

[TD 1]

[Vol. 6. No. 1. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 2 IULaidH, 1897. No. 1.

Litir a Ontario.

Cha 'n eil fhios agam co-dhiu bu chòir dhomh sgrìobhadh aig an àm so no nach b' eadh. Bi'dh mi smaoineachadh air uairibh nach eil mo chuid sgrìobhaidh a' tigh'nn ri cail luchd-leughaidh a phaipeir; theagamh gu 'n tuirt mi rud-eigin nach do chòrd riutha no thug oilbheum do 'n fhear-dheasachaidh. Tha mi faicinn nach d'fhuair an litir mu dheireadh a sgrìobh mi ait anns a' MHAC-TALLA idir. Sgrìobh mi eachdraidh ghoirid air bàs an Urr. Domhnull Mac Leoid, a dh' fhàg sinn air an deicheamh latha dhe 'n Mhàrt s'a chaidh. Ach faodaidh nach d' rainig na sgrìobh mi oifis MHIC-TALLA idir, agus gu bheil mi mar sin ag agairt an fhir-dheasachaidh mar nach bu chòir dhomh; ma tha sin mar sin, tha mi 'g iarraidh mathanais.

Bha side gle fhliuch againn an so fad na curachd. Bha mòran de na tuathanaich nach d' fhuair a churachd [?] gus an robh e gu math anmoch. Tha an t-side a fas briagha blàth a nis, agus tha gach ni a' fàs gle mhath. Cha 'n eil na leumadairean-feòir ach ainneamh ri 'm faicinn fhathast, agus tha sinn an dòchas gu 'n teid a' bhliadhna so seachad gun phlàigh sam bith a thighinn.

Bha ùpraid mhor 'ga dheanamh anns a' chearna so de 'n dùthaich air son Iubili na Bàn-Rìgh'nn, air an darna latha fichead de 'n mhios so. 'S i mo bharrail fhéin gu robh iad a' deanamh tuilleadh 'sa chòir, oir cha 'n eil anns a' Bhan-Rìgh chòir ach fuil agus feòil mar a th' anns gach bean eile-agus feumaidh i pilleadh a dh' ionnsuidh na duslaich o'n d' thàinig i cho math ris an neach a's isle a tha fo 'riaghladh. Ach tha sinn an dòchas gu 'm bi Ban-Rìgh Victoria beò, agus a' riaghladh os ar ceann, iomadh bliadhna fhathast.

Tha duin' òg againn anns an Eaglais Chléirich an so do 'n ainm Maighstir Mathanach. Tha e 'searmonachadh na Gàilig; cha d' fheuch e riamh i gus an d' thàinig e do Phriceville, ach tha 'dol aig oirre gle mhath. 'S fìor an sean-fhacal, "Far am bheil an toil tha 'n comas."

Chaochail a' bhean bu shine bh' anns an àite so air an t-seachdain s'a chaidh-Caitriona Nic Artair, bantrach Alasdair Dhomhnulliach-aois cheithir fichead us choig bliadhn' deug. Cha robh i tinn riamh gus an t-earrach so, ach tha 'm bas cinnteach ged a ruigeamaid mìle bliadhna.

Tha mi toilichte gu bheil Bodachan a' Ghàraidh beò fhathast, 's gu bheil e cho mear 'sa bha e riamh. Tha mi faicinn gu robh an t-side cho fliuch ann an Albainn air an t-samhradh so 'sa bha i 'san dùthaich so fhéin—gu dearbh, feumaidh gu robh i pailt na bu doirbhe 'nuair a bha i 'n impis na h-earbaill a thoirt as na h-eich, ar-neo cha 'n eil earbaill nan each cho daingeann anns an t-seann duthaich 'sa tha iad anns an duthaich so.

Bidh mi a' sgar aig an àm so, an dòchas gu faigh na sgrìobh mi àite anns a' phaigear agus ma gheibh, cha 'n fhada gus an sgrìobh mi a rithist. Is mi ur caraaid.

IAIN MACILLEASBUIG.

<eng>Priceville, Ont.<gai>

(Faodaidh sinn a radh nach d' fhuair sinn an litir eile a' sgrìobh ar caraaid idir, neo ma fhuair chaidh i air chall 's air diochuimhn' oirnn. Dh'fhairtilch oirnn a faotainn am measg nan litrichean eile a th'againn air làimh, agus cha mho a tha cuimhne sam bith againn air a leithid fhaotainn. Faodaidh Iain MacIlleasbuig a bhi cinnteach nach ann a' deanamh tàire no di-meas sam bith air a chuid sgrìobhaidh a bha sinn. Tha sinn gle thaingeil dha air son an liuthad litir a tha e 'cur ugainn, agus b' fhearr leinn gu robh moran eile cho cuimhneach oirnn 'san dòigh sin 'sa tha esan.)

Cath taobh na teallaich.

Calltachd na bliadhna leis.

Biodh sin mar a chithear dha.

Bithidh deireadh an latha salach.

Buille mu seach, a spadadh an eich.

Biodh do bheul mar bheul an fheusgain.

Cha chaith na feannagan thu 'n bliadhna.

Cha'n ann gun chomain a ni n croman fead.

Cha b' ann air muileacha—màg a chaidh m' arach—sa.

Ni duine sam bith airgiod, ach 's e 'n duine glic a ghleidheas e.

Cha'n 'eil ach tri seachduinneam eadar an droch bhearradair 's an deadh fhear.

Cha bhi 'n àirde na 'n isle nach fhaic suil an Ilich; cha bhith 'n cuil na cuilibh nach fhaic suil a Mhuilich.

Cha duine tàilllear, is cha duine dhà dhuibh; 's ann a chuireadh

fitheach thar creige, dà fhichead 's a dha dhuibh.

Cha d' rinn crodh-laoigh d' athar-sa agus m' athar-sa ionaltradh cho dluth air a cheile, 's gun tagair thu 'n t-seirbhis sin orm.

Sgeul Mu'n Bhan-Rìgh.

Aig àm àraidh, 'nuair a bha a' Bhan-Rìgh ann caisteal Bhalmoreal, 'sa Ghàidhealtachd chaidh i aon latha mach leatha fhéin gu dhol air chéilidh am measg nan taighean a b' fhaisg' oirre. Air dhi a dhol a stigh do thigh a bh' ann an sin, fhuair i an sin seann duine liath air an leabaidh 's gun duine aige, ach e-fhéin. "Gu de so?" ars' ise, "nach eil duin' agad idir a dh'fhuiricheas còmhla riut?" "Cha'n eil," ars an seann duine, "tha mo mhuinntir uile air falbh a choimhead na Ban-Rìgh'nn; bha iad a' smaoineachadh dòcha gu'm faiceadh iad sealladh dhi." Shuidh a' Bhan-Rìgh ri 'thaobh treis a dh' ùine, a' brnidhinn ris, agus a' leaghadh dha. Air dhi a bhi 'ga fhàgail shin i not choig puinnnd dha, agus thuirt i ris, "'Nuair a thig do theaghlach dhachaidh, abair riutha, 'nuair a chaidh iad-san a choimhead na Ban Rìgh'nn gu'n d'thainig a Bhan-Rìgh a choimhead ortsa." Is ann le caoimhneasana beaga dhe'n t-seòrsa so a tha Ban-Rìgh Victoria an deigh àite cho blath fhaotainn ann an cridheachan an t-sluaigh. Bha i riamh cuimhneach air na bochdan, agus 'se 's dòcha gu bheil iad-san 'ga faicinn na's trice na tha urrachan mora na rioghachd. Ann an làithean a h-òige bha na croitearan agus na daoine bochda timchioll air a caisteal anns a Ghàidhealtachd gle eòlach oirre.

Ag Ionndrain Mhic-Talla.

A CHARAID:—Gu de dh'éirich do MHAC-TALLA air an t-seachdain a dh'fhalbh? Cha do thaghail e idir againn an so. Tha mi an dòchas nach do chuir an Iubili a cheann 'na bhoil 's gu'n deach e air chall. Do charaid,

A. BAIN.

<eng>Port Hawkesbury,<gai> Iun 21, '97.

Chaidh boirionnach do 'm b' ainm Marr, ann an <eng>Chatham, N. B.,<gai> a losgadh cho dona aon la air an t-seachdain s'a chaidh 's gu 'n do chaochail i an ath latha. Bha i togail poite bhar an teine, 'nuair a ghreimich an teine ri a cuid aodaich, 's chaidh a losgadh dhith. Bha a fear-pòsda còmhla rithe aig an àm agus chaidh e-fhéin a losgadh gu dona a feuchainn ri 'sàbhaladh.

Choisinn réiseamaid Ghàidhealach Toronto cliu mor dhi fhéin ann an Sasuinn o chionn ghoirid, agus tha muinntir a bhaile cur rompa gu 'n dean iad beatha Ghillean an Fhéillidh gu h-uasal 'nuair a thilleas iad dhachaidh.

[TD 2]

[Vol. 6. No. 1. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UAISLE.

CAIB. VI.

Air eagal bristeadh air mo mhionnan, cha do chuir mi ceisd sam bith air, ach rug mi air laimh air a' mhnaoi-uasail, agus leis an t-seoladh a thug mac bhrathar m' athar dhomh, thug mi i a dh' ionnsuidh an aite-adhlacaidh. Cha deachaidh sinn ceum iomrall; oir bha airde na gealaich ann. Cha robh sinn ach air ruiginn an uair a chunnaic sinn mac bhrathar m' athar a' tighinn 'n ar deigh. Bha soitheach uisge aige, agus pocan beag anns an robh criadh thioram.

Bhrist e urlar an aite-adhlacaidh le cul na tuaidhe, agus an uair a chladhaich e an talamh, leig e ris an dorus-falaich a bha fo 'n aite-adhlacaidh. An uair a dh' fhosgail e an dorus so, thug mi an aire gu 'n robh staidhre a' dol sìos do dh' ionad-comhnuidh a bha fo 'n talamh. An sin thuirt e ris a mhnaoi-uasail, "A bhaintighearna, is e so an rathad a dh' ionnsuidh an aite a bha mi ag radh riut."

An uair a chuala 'bhean-usal so, tharruinn i osna throm, agus ghabh i sìos an staidhre. Mu 'n deachaidh esan sìos thuirt e rium, "A mhic bhrathar m' athar, tha mi anabarrach fada 'nad chomainn air son na chuir mi ort de dhragh. Gu'n robh math agad. Slan leat"

"Ciod is ciall dha so?" arsa mise.

"Coma leatsa; till an rathad a thainig tu," ars' esan.

Cha dubhairt e an corr rium. Thill mi gun dail do 'n luchairt aig brathair m' athar, agus chaidh mi do 'n leabaidh. An la-'r-na-mhaireach an uair a dhuisc mi, thoisich mi ri smaointean air na thachair an oidhche roimhe sin. Agus an uair a chuimhnich mi air gach ni iongantach a thachair, is ann a bha mi an duil gur brудар a chunnaic mi. Leis mar a fhuair so a leithid de ghreim air an inntinn agam, chuir mi fios a dh' fheorachadh an robh mac bhrathar m' athar deas gus m' fhaicinn. Ach an uair a dh' innseadh dhomh nach do chaidil e 'na leabaidh fhein an oidhche roimhe sin, agus gu'n robh muinntir an taighe fo dhragh mor m' a dheidhinn, thuig mi nach bu bhrудар a bh' anns na nithean iongantach a chunnaic mi an oidhche roimhe sin. Chuir an gnothach a bh' ann dragh mor air m' inntinn. Gun fhios do dhuine beo chaidh mi do 'n chladh, agus mi 'n duil gu'n amaisinn air an aite-adhlacaidh do 'n deachaidh e; ach o'n a bha aireamh mhor ann de'n aon seorsa, cha b' urrainn mi a dheanamh am mach co an t-aon do 'n deachaidh e. Ged a chaith mi ceithir latha 'g a iarradh, cha d' fhuair mi e.

Fad na h-uine, bha brathair m' athar anns a' bheinn-sheilg. An uair

a bha mi 'gabhail fadachd nach robh e tighinn, chuir mi romham gu'm falbhainn dhachaidh. Ghuidh mi air na comhairlichean iarraidh air an rìgh an uair a thilleadh e dhachaidh mo leithsgeul a ghabhail; agus gun dail sam bith thug mi m' aghaidh air luchairt m' athar.

Bha luchd-comhairle an rìgh, brathair m' athar, fo iomagain mhoir mu thimchioll a' phrionnsa; ach o 'n a thug mise mo mhionnan nach innsinn cìod a chunnaic mi, cha b' urrainn domh fiosrachadh sam bith a thoirt dhaibh m' a dheidhinn.

An uair a rainig mi ceannabhaile na rioghachd aig m' athair, far an robh 'm athair a gabhail comhnuidh, bha 'n luchairt air a cuartachadh le armachd laidir. Rug na saighdearan orm, agus rinn iad prìosanach dhìom. An uair a dh' fheoraich mi cìod bu chiall do 'n ghnothach, thuirt ard-cheannard an airm rium, gu 'n do chuireadh m' athair gu bas, gu 'n d' rinneadh an t-ard-chomhairleach 'na rìgh, agus gu 'n d' ordaicheadh mise e ghlacadh 'n am phrìosanach ann an ainm an rìgh.

Gun dail sam bith thugadh an lathair an rìgh mi. Tha e furasda 'thuigsinn gu 'n robh ioghnadh agus bron gu leor orm.

Bha fuath agus gamhlas mòr aig an ard-chomhairleach dhomh fad uine mhoir roimhe sin air son an aobhair so:—An uair a bha mi'n am bhalach òg, bu ghle thoigh leam a bhith gu math tric ag obair le bogha-saighead. Air latha araidh air dhomh a bhith faisge air an luchairt, chunnaic mi eun a' dol seachad. Thilg mi saighead 'na dheigh, ach cha d' amais mi idir e. Thuit gu mi-fhortanach gu 'n do bhuaill an saighead anns an t-suil air an ard-chomhairleach, an uair a bha e sraidimeachd dluth orm, agus chuir e as i. Cha bu luaithe a thuig mi mar a thachair na chaidh mi a dh' aon ghnothach far an robh e gus e a ghabhail mo leithsgeul, agus a dh' iarraidh mìle mathanas air. Ach ged a rinn mi so cha do leig e riamh as 'aire gu 'n do chuir mi as an t-suil. A h-uile cothrom a gheibheadh e bha e 'nochdadh gu soilleir dhomh gu 'n robh e toileach dìoghaltas a dheanamh orm. Ach an uair a thugadh air a bheulaobh mi mar phrìosanach, chuir e a dhroch nadar an ceill ann an doigh a bha gle chruaidh-chridheach. Leum e far an robh mi mar gu 'm biodh fear-caothaich, agus spion e asam an t-suil dheas. Sin agaibh, a bhaintighearna; mar a chaill mi mo shuil.

Ach cha d' fhoghainn sìd leis; dh' ordaich e mo dhruideadh ann am bocsa, agus thug e aithne do 'n fhear-marbhaidh mo thoirt do 'n fhasaich, agus an ceann a thoirt dhìom, agus mo chorp fhagail gu bhith mar bhiadh aig eunlaith an adhair. Thug am fear-marbhaidh leis mi air muin eich do 'n fhasaich gus a dheanamh orm mar a dh' aithneadh dha; ach an uair a bha e 'dol g'am chur gu bas, ghuidh mi air gu durachdach le deuraibh e a leigeadh mo bheatha leam. Ghabh e truas dhìom, agus thuirt e rium, "Bi falbh as an rioghachd cho luath 's is urrainn dut, agus thoir do cheart aire nach tig thu air ais gu brath tuilleadh; air neo ma thig, cha bhì an tuilleadh saoghail agad, agus cuirear mise gu bas cho math riut fhein."

Thug mi mìle taing dha air son an fhabhair a rinn e rium; agus an

uair a leig e as mi thug mi mi-fhein as. Ged a bha mi craiteach, bronach air son gu'n do chaill mi mo shuil, gidheach bha mi gle thoilichte gu'n do ghleidh mi mo bheatha.

Ann an t-suidheachadh through anns an robh mi cha robh mi comasach air moran astair a chur 'nam dheigh. Re an latha, bha mi 'g am fhalach fhein anns gach a te a b' uaighiche na cheile a thachradh rium, agus re na h-oidhche, bha mi 'siubhal troimh an fhasach chomath's a leigeadh mo neart leam. Mu dheireadh rainig mi ceanna-bhaile na rioghachd aig brathair m' athair. Dh' innis mi dha facal air an fhacal mar a thachair do 'm athair 's mar a dh' eirich dhomh fhein.

"Ochan!" ars' esan, "thainig gu leor ormsa an uair a chaill mi m' aon mhac, ged nach cluinninn mu bhas mo bhrathar gaoil do'n robh speis cho mor agam. Agus cha 'n e thusa fhaicinn anns an t-suidheachadh mhuladach anns am bheil thu a's lugha a tha 'cur de bhron orm."

Dh' innis e dhomh gu'n robh e fo dhragh-inntinn ro mhor a chionn nach robh e 'cluinntinn guth no iomradh mu thimchioll a mhic a dh' aindeoin gach rannsachadh a rinn e fad' is farsuinu air a shon. An uair a dh' innis e so dhomh bhrist a ghal air, agus bha e 'na leithid de chruaidh-dheuchainn le caoidh 's le bron 's nach robh e 'n comas dhomh an diomhaireachd a bh' agam a chumail an cleith air ni b' fhaide. Agus ged a thug mi mo mhionnan nach tugainn guth gu brath air na chunnaic 's na chuala mi an oidhche mu dheireadh a chunnaic mi mac bhrathar m' athar, dh' innis mi gach ni air am b' fhiosrach mi.

Fhad 's a bha mi ag innseadh mo naigheachd dha, dh' eisd e rium le mor aire. Agus an uair a chuir mi crìoch air na bh' agam ri radh, thuirt e, "A mhic mo bhrathar tha na dh' innis thu dhomh 'g am chur ann am misnich. Bha fhios agam gu'n d' ordaich mo mhac ait'-adhlaic a thogail; agus o'n a tha rud eiginn de bheachd agadsa air an aite, tha mi, 'smaointean gu'n amais sinn air. Ach o'n a dh' ordaich e a thogail gun fhios a bhith aig daoine air, agus o'n a thug thusa do mhionnan nach innseadh tu ni m'a dheidhinn, is e mo bharaill gur coir dhuinn sealltainn air a shon gun ghuth a radh ri neach eile m' a dheidhinn."

Ach bha aobhar eile aig brathair m' athar air a' ghnothach a chumail falachaidh ged nach d' innis e dhomhsa e aig an am. Tuigidh sibh an t-aobhar mu'n cuir mi crìoch air na bheil agam ri radh.

Chuir sinn sinn-fhein as aithne, agus chaidh sinn am mach air dorus-cuil a' gharaidh. Ann an uine ghoirid dh' amais sinn air an aite a bha sinn ag iarraidh. An uair a chunnaic mi an t-ait-adhlaic ghrad dh' aithnich mi e, agus bha mi gle thoilichte gu'n d' amais sinn air, gu h-araidh o 'n a chaith mi uine mhath 'g a iaraidh roimhe

[Vol. 6. No. 1. p. 3]

sid. Chaidh sinn a steach ann, agus fhuair sinn an dorus-falaich a bh' aig barr na staidhreach air a dhruideadh gu math 's gu robh mhath. Theab nach rachadh againn air 'fhosgladh, o 'n a bha e air a dhruideadh o 'n taobh a staigh leis a' chreadhaidh 's leis an uisge. Ach mu dheireadh chaidh againn air 'fhosgladh.

An uair a dh' fhosgail sinn e chaidh brathair m' athar sios an toiseach, agus lean mise e. Bha leith cheud ceum anns an staidhre; agus an uair a rainig sinn a bonn, thachair seomar oirnn anns an robh solus mugach, agus a bha lan de cheo 's de dhroch aileadh. Chaidh sinn as an t-seomar sin a steach do sheomar mor, farsuinn eile. Bha biadh is deoch gu leor ann, agus bha na h-uiread de choinnlean laiste ann. Cha robh duine ri fhaicinn ann, agus chuir so iognadh mor oirnn. Thug sinn an aire gu 'n robh na cuirteanan air an tarruinn ri 'cheile. Chaidh an righ thun na leapadh, agus chunnaic e a mhac fhein agus a' bhean uasal anns an leabaidh comhladh, agus iad air an losgadh 'nan gnal, mar gu 'm biodh iad air an tilgeadh ann an teine mor, agus air an toirt as a rithist mu 'n do chnamh iad.

Ged a bha 'n sealladh so eagalach ri 'fhaicinn, ghabh mi iognadh mor an uair a chunnaic mi cho beag doilghis 's a chuir e air brathair m' athar a mhac fhaicinn 'na leithid de staid eagalach; oir an aite teannadh ri caoidh air a shon, is ann a thilg e smugaid anns an aodann air, agus thuirt e le guth taireil, "Is e so peanas an t-saoghail so, ach mairidh peanas an ath shaoghail gu siorruidh." Agus mar nach biodh e riarichte le so a radh, thug e dheth a bhrog, agus bhuaile e a mhac anns a' cheann leatha.

CAIB. VII.

Cha 'n urrainn domh cainnt a chur air an iognadh a ghabh mi an uair a chunnaic mi an droch dhiol a rinn brathair m' athar air a mhac 's e 'na laidhe marbh 's an leabaidh. "Mo thighearna," arsa mise, "ged a tha 'n sealladh muladach so a' cur broin orm, cha'n urrainn mi gun fheoraich dhibh, gu de'n cionta a chuir bhur mac an gnìomh an uair a tha sibh a' deanamh a leithid de thair air a chorp?"

"Feumaidh mi innseadh dhut," ars' esan, gu 'n do thuit mo mhac ann an trom ghaol air a phiuthair an uair a bha iad le chile gle og. Ged a bha fhios agamsa air so, cha do chuir mi an toiseach bacadh air a' chuis, do bhrìgh nach do smaoinich ni gu'n tigeadh olc sam bith as. Mu dheireadh, an uair a ghabh mi eagal gu 'n tigeadh an gaol a bh' aca air a cheile gu olc air a' cheann mu dheireadh, rinn mi gach ni a ghabhadh deanamh a chum stad a chur orra. Chronaich mi mo mhac gu searbh, eadar mi fhein 's e fhein, agus chomharraich mi am mach dha cho graineil 's a bha na miannan a bha e ag arach. Leig mi ris dha, gu 'n tugadh e masladh siorruidh air fhein 's air an taghlach gu leir, nan leanadh e roimhe air an obair a bh' aige.

Leig mi ris a' cheart ni do m' nighinn mar an ceudna. Dhruid mi ann an seomar i far nach fhaiceadh 's nach cluinneadh i a brathair. Ach bha an creutair truagh cho lan de'n droch ghne 's nach robh e an comas ciall no gliocas a chur innte. Mar bu mho a bheirteadh de chomhairle oirre, agus a chuirteadh fo stamhnadh i, is ann bu mho a bha i 'cur roimhe gu 'm faigheadh i a toil fhein.

Bha mo mhac lan-chinnteach gu 'n robh a phiuthar dilaes dha. Thoisich e air togail ait-adhlacaidh; ach cha robh an so ach leithsgeul a ghabh e, a chum gu'n rachadh aige gun fhios do dhuine sam bith, air taigh fo-thalamh a thogail, ann an dochas gu'm faigheadh e cothron, latha no lath' eiginn, air a phiuthar a thoirt leis sios ann. An uair a fhuair e mise o 'n taigh ghoid e leis a phiuthar. Ach cha leigeadh mo naire leamsa an gnìomh olc a rinn iad a dheanamh aithnichte do'n t-saoghal; oir tha e 'na ni graineil an sealladh nan uile sluagh. Ach chunnaic Dia iomchuidh breitheanas a thoirt orra le cheile air son gach obair ghraineil a bha iad a' cur an gnìomh. An uair a thuirt e so bhrìst a ghal air, agus thoisich mise ri gul maill ris.

An uair a thug e greis mhath air gul 's air caoidh thuirt e rium, agus e breith orm 'na ghairdeanan, "A mhic mo bhrathar, ma chaill mise droch mhac, is docha gu 'n seas thusa aite mic dhomh ni 's fhearr na rinn esan."

Thoisich e a rithist ri labhairt mu 'n droch chrich a thainig air a mhac 's air a nighinn; agus thug so oirnn le cheile teannadh ri gul 's ri caoidh.

Mu dheireadh, dhirich sinn suas an staidhre; dhuin sinn an dorus-falaich cho math 's a b'urrainn duinn. Leag sinn an t-ait-adhlacaidh, a chum gu'n cuireamaid falach air a' bhreitheanas a thug Dia air na creutairean truagha a chuir a leithid a mhasladh orra fhein.

Chaidh sinn air ais do'n luchairt gun duine 'g ar faicinn. Cha robh sinn ach uine ghoirid a staigh an uair a chuala sinn fuaim thrumbaidean is dhrumachan a' teannadh oirnn. Thuig sinn gu'n robh armailt laidir a' tighinn do'n bhaile. Co bh' ann ach an t-ard-chomhairleach a chuir m' athar gu bas, agus a ghabh seilbh air an rioghachd aige. Cha 'n fhoghnadh leis greim a dheanamh air rioghachd m' athar, ach dh' fheumadh e greim a dheanamh air rioghachd bhrathar m' athar mar an ceudna.

Thainig a' chuis cho ealamh air brathair m' athar 's nach robh uine aige gus a chuid shaighdearan a chur an ordugh catha; agus mar sin, cha b' urrainn e e-fhein 's a rioghachd a dhion o'n armailt mhoir a bha 'cuartachadh a' bhaile. Ann an uine ghoirid bhrìst iad a steach do'n bhaile, agus thainig iad do'n luchairt. Chog brathair m' athar agus freiceadan a' bhaile an aghaidh na namhaid cho treum, duineil 's a b' urrainn a bhith; ach bha tuilleadh 's a' choir mu'n coinneamh. Cha do gheill brathair m' athar gus an do thuit e marbh. Air mo shon fhein dheth, chog mi cho math 's a b' urrainn mi. Ach an

uair a chunnaic mi nach deanadh cogadh-feum ni b' fhaide, smaoinich mi gu 'm b' fhearr dhomh teicheadh le m' bheatha na fuireach ri m' mharbhadh. Gu fortanach fhuair mi air falbh le m' bheatha, agus bha mi am falach car uine ann an taigh aoine de sheirbhisich an righ.

Air dhomh a bhith mar so air mo chuart achadh le bron agus le mi-fhortan, cha robh rathad agam air a bhith sabhailte mur cuirinn mi fhein gu buileach as aithne. Air an aobhar sin, thug mi dhìom a h-uile ribe feusaig a bh' orm, lom mi mo mhalaidhean, agus chuir mi umam eideadh caladair. Air an doigh so fhuair mi gu sabhailte am mach as a' bhaile. 'Na dheigh sin fhuair mi air falbh, mar a b' fhearr a dh' fhaodainn, as an rioghachd a bh' aig brathair m' athar, le bhith 'gabhail frith-rathaidean agus a' seachnadh gach aite anns an saoilinn am biodh daoine a dh' aithnicheadh mi.

An uair a thainig mi do 'n rioghachd aig an righ chumhachdach, Haroun Alraschid, bha fhios agam gu 'n robh mi saor o chunnart. Bha mi 'dol fo m' smaointean feuch ciod a b' fhearr dhomh a dheanamh, agus bhuaile e 's a' cheann agam tighinn do Bhagdad, agus cuideachadh iarraidh air an righ; oir tha e air aithris anns gach aite gu 'm bheil e 'na dhuine cho iochdmhor 's cho trocaireach 's a tha beo. Thuirt mi rium fhein, gu 'n gabhadh e truas dhìom an uair a dh' innsinn dha gach cruaidh fhortan troimh 'n deachaidh mi. Tha mi cinnteach gu 'n dean e sin; oir cha duilt e cuideachadh a thoirt do mhac righ a tha cho feumach air cuideachadh 'sa tha mise.

An deigh dhomh a bhith aireamh mhiosan air mo thurus thainig mi an de gu geata 'bhaile so, agus thainig mi steach ann am beul an anamoich. Stad mi car uine ghoirid a leigeadh m' analach, agus a smaoinichadh co an t-aite air an tugainn m' aghaidh. Thainig an caladair so eile a tha ri m' thaobh far an robh mi. Chuir e failte orm agus chuir mise failte airsan, "Tha e coltach," arsa' esan, "gu 'm bheil thu 'nad choigreach 's a' bhaile so mar a tha mi fhein."

"Tha thu ceart gu leor," arsa mise.

Cha bu luaithe a thuirt e so na thainig an treas caladair a tha sibh a' faicinn, far an robh sinn. Chuir e failte oirnn, agus dh' innis e dhuinn gu 'm bu choigreach e a bha air ur thighinn gu ruig Bagdad. Agus, mar a bha nadarra gu leor dhuinn, rinn sinn braithreachas ri' cheile, agus runaich sinn gu 'm biomaid a' falbh an cuideachd a cheile. Aig a' cheart am bha e air fas anamoch 's an fheasgar, agus cha robh fhios againn c'aite an rachamaid a dh' iarraidh aite fuirich, o nach robh luchd-eolais againn anns a' bhaile, agus nach robh sinn ann riamh roimhe. Gu fortanach thainig sinn

(Air a leantuinn air taobh 6.)

[TD 4]

[Vol. 6. No. 1. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,

<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher 'Mac-Talla,'

Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 2 IULaidh, 1897.

Tha sinn a' leughadh an dràsda 'sa rithist mu réiseamaidean Gàidhealach a thatar a' cur air chois ann an caochladh àitean an Canada. Tha reiseamaid de Ghillean an Fhéillidh ann am Montreal o chionn treis a bhliadhnaichean, te eile ann an Toronto, agus ma 's math ar beachd, tha te ann an Vancouver. Tha iad so uile air an sgeadachadh anns an deise dhùthchasaich, agus tha iad air am meas am measg nan réiseamaidean a's fhearr a tha 'n Canada air fad. Nach bu chòir réiseamaid no dha dhe 'n t-seòrsa sin a bhi againn ann an Ceap Breatunn? Cha 'n eil cearna de Chanada anns am faighear na fìor Ghàidheil cho pailt 'sa gheibhear iad air an eilean so, ach ged nach eil fhéin, cha 'n eil réiseamaid de shaor-dhionadairean againn a tha air an éideadh anns an deise Ghàidhealaich. An aon réiseamaid de dh' arm-coise a th' againn, 'sa tha aig an àm so anns a' champa faisg air Baddeck, abrar na "Gàidheil Earra-ghàidhealach" riutha, ach cha 'n eil féilleadh no breacan m' an timchioll idir. Cha 'n aithne dhuinn gu bheil ni 'gan comharrachadh o réiseamaidean eile, ach gur h-i bhonaid is còmhach-cinn dhaibh, agus gu bheil piobairean aca. Cha 'n eil so mar bu chòir idir. Cha 'n eil an Riaghladh deònach cosg ri deiseachan Gàidhealach a chur air réiseamaid sam bith de shaor-dhionadairean, oir tha iad moran na 's cosgaile na na deiseachan cumanta, agus 'se 'n dòigh air an d' fhuair réiseamaidean Mhontreal, Thoronto, agus Vancouver iad, gu robh airgead air a chur cruinn le muinntir nam bailtean sin air son an aobhair. Nach bu chòir oidhearp a thoirt air an ni ceudna dheanamh ann an Ceap Breatunn? Tha sinn cinnteach nam biodh oidhearp cheart air a toirt gu 'n gabhadh airgead gu leòr cur cruinn. 'Nam b'i 'n deise Ghàidhealach deise na reiseamaid so, bhiodh barrachd mor spéis aig òigridh na dùthcha bhi innte, agus cha b' fhada gus am biodh i air aon de 'n fheadhainn a's fhearr a tha 'n Canada. Tha sinn an dòchas gu 'm feuchar an ùine ghoirid ri airgead a chur cruinn agus nach ruith moran time gus am faic sinn na "Gàidheil Earra-ghaidhealach,"

anns

“An fhasan sin a chleachdadh leo;
An t-eille grinn 's an gartan,
An cota gearr, 's am breacan
Air a phasgadh air a ghuallainn.”

B'e Dior-daoine latha-breith Chanada. Tha deich bliadhna fichead air a dhol seachad o'n rinneadh na mor-roinnean, a bha roimhe sin a' deanamh air an son fhéin mar a b' fhearr a dh' fhaodadh iad; aonadh ri chéile, agus tha iad uaithe sin air an riaghladh mar aon dùthaich. Tha Canada an deigh adhartas mor a dheanamh o'n uair sin. Aig àm an aonaidh cha robh ann dhith ach na ceithir mor-roinnean, Nobha Scotia, New Brunswick, Cuibeic agus Ontario; an diugh, a bharrachd orra sin, tha Eilean a' Phrionnsa, Manitoba, Columbia Bhreatunnach agus raointean mor an Iar-Thuath air an gabhail a stigh. Tha Canada an latha 'n diugh 'ga sineadh fhéin cho fada 'n ear 'sa leigeas an Cuan Atlantach i, agus an iar cho fada 'sa leigeas an Cuan Ciùin i; a deas gu crìoch thuath nan Stàitean, agus a tuath na 's fhaide na fhuair mac an duine riamh a dhol. Tha Canada an diugh 'na dùthaich gle ghealltannach ann an iomadh dòigh, agus tha i 'tarruinn aire na seann dùthcha agus dhùthchannan eile mar nach robh i riamh roimhe. Ged a bha moran ann am mor-roinn Nobha Scotia gle shearbh an aghaidh an aonaidh 'uuair a rinneadh e, 'se ar barail nach eil iad ach gle ainneamh an diugh a bhiodh air son a chur m'a sgaoil. Cha robh an latha air a choimhead cho math air an turus so 'sa b' àbhaist, a thaobh Iubili na Ban-Rìgh'nn a bhi cho faisg air, ach 'se 's dòcha, mar a bhios tim a ruith 's a bhios an sluagh a' gabhail beachd air eachdraidh an dùthcha, gu 'm bithear 'ga choimhead na 's fhearr na h-uile bliadhna.

Sgaoil Ard-Phàrlamaid Chanada Di-màirt. Bha i 'na suidhe gu math na b' fhaide na bha dùil a bhitheadh i, ach bha iomadh ni ri ruith air mu 'm b' urrainn i sgaoileadh, agus bha moran aig na fir ri radh mu gach ni dhiubh sin. Chaidh barrachd us aon bhìll a bha aig an Riaghladh 'san amharc a leigeadh seachad a chionn nach robh ùine ann air son an cur air adhart.

Tha deich mìle dolair air a chur air leith leis an Ard-Riaghladh air son acarsaid Phort Morien a chur an uidheam na 's fhearr. Bha am <eng>breakwater<gai> air a mhilleadh gu mor o chionn da bhliadhn' air ais, agus tha làn àm a chàradh. 'Nuair a nithear sin, cha 'n eil fhios nach bidh timeannan beagan na 's fhearr, 'sa bhaile sin, oir cha bhi ni a' cur bacadh air cur a mach a ghuaill.

Tha MAC-TALLA leis an àireamh so a tòiseachadh air bliadhn' eile. Tha sinn an dòchas gu 'n dean iadsan a tha 'ga gabhail an dleasan d'a thaobh air a' bhliadhna so.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
<eng>New York.<gai>

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni
e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prìsean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhèarr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart

phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. Mac Fhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 5]

[Vol. 6. No. 1. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha na suidheagan làir a nise 'gan creic anns a bhaile; tha iad gu math daor, 80cts an galan, ach cha 'n fhada gus am bi iad na 's saoire.

Bha a' chùirt mhòr 'na suidhe anns a' bhaile deireadh na seachdain s'a chaidh agus air an t-seachdain so. Bha aireamh mhor de chàsan air a beulaobh, agus 'se 's dòcha gu 'm bi àireamh mhath dhiubh nach bi air am feuchainn aig an àm so.

Tha sinn a' mealltuinn side gle bhriagha o chionn còrr us seachdain; 'se sin tha turadh agus grian againn, ach tha fuachd mor anns a' ghaoith fhathast. Thatar ag radh gu robh reothadh ann oidhche Dimàirt. 'S iomadh bliadhna o nach robh leithid a dh' fhuachd ann mu 'n àm so.

Bha an t-Urr. E. S. Bayne, ministear Mhabou, agus an t-Urr. Alasdair Ros, ministear Hogamah, ann a' Winnipeg air a mhios a dh' fhalbh, a' frithealadh Ard-Sheanadh na h-eaglais Chléirich, a bha cruinn anns a' bhaile sin. Cha robh de mhinistearan an eilein aig an Ard-Sheanadh ach iad fhein.

Tha am bàta-smùide <eng>"Peerless"<gai> a nise 'deanamh an aiseig mar a b' àbhaist. O chionn da sheachdain air ais sguir i a ruith, agus bha chuideachd leis 'm bu leis i 'dol 'ga cur eadar Baddeck agus na Narrows Mhora. Ach cheannaich cuideachd a mhuinntir Shidni agus Shidni Tuath i, agus chuir iad a dh' obair i far an robh i roimhe. Tha mar sin an da bhàta deanamh an aiseig mar a bha iad o chionn da bliadhna. Tha gach aon a' deanamh coig turuis gach latha.

Chaidh clàr-chuimhne a chur suas ann a' Halifax a sheachduin gus an diugh, mar chuimhne air Sir Iain Cabot, am maraiche treun a chuireadh a nall le ùghdaras rìgh Shasuinn a shireadh dhùthchannan ùra, agus a fhuair am mach tìr-mor America air toiseach air gach duin' eile. Cha 'n eil teagamh sam bith aig na daoine 's fiosraiche mu 'n chuis nach ann an cearn eigin de Cheap Breatunn a thainig e air tìr, agus 's bochd an gnothuch mur bi carn-chuimhne air a cur suas dha air an eilein so.

Chaidh an dithis dhaoine a bhrist a mach as a phrìosan an so o chionn da mhios no còrr, na Guthros, a ghlacadh ann am Montreal air an t-seachdain s'a chaidh. Dh' fhalaich iad iad-fhéin anns an t-soitheach-smùide <eng>Turret Chief<gai> nuair a bha i falbh gu Montreal; fhuair iad a mach iad air an turus agus chuireadh an greim iad cho luath 'sa rainig an soitheach a ceann-uidhe. Thugadh air ais gu Sidni iad oidhche Di-luain s'a chaidh, agus tha iad ri bhi air am feuchainn aig a chùirt mhòir.

Tha Ard <eng>Lodge<gai> nan <eng>Good Templars<gai> ri bhi cruinn ann am Baddeck air an t-seachdain s'a tighinn. Bi'dh a cheud choinneamh aca oidhche Di-màirt, aig ochd uairean, agus bi'dh coinneamhan aca Di-ciaduin agus Dior-daoin. 'Se so a cheud uair dhaibh tighinn do Cheap Breatunn, agus tha sinn an dòchas gu 'n còrd an turus riutha gu math. Tha na <eng>Templars,<gai> o chionn bliadhna no dha air ais, air fàs gle làidir air an eilean so. Tha àireamh mhor dhiubh as a chuid so de 'n eilein a' dol gu Baddeck air a' Mharion Di-ciaduin.

Tha timeannan gle fhad air ais air an t-samhradh so; tha 'n t-airgead gann agus tha e doirbh do na tuathanaich pris cheart fhaotainn air ni sam bith a th' aca ri sheachnadh. Tha pris an ime anabarrach iseal, na 's isle na bha e o chionn iomadh bliadhna. Bha tuathanach a mhuinntir Mhabou ann an Sidni Tuath air an t-seachdain so, a creic ime, agus cha 'n fhaigheadh e air ach da shent dheug am punnd. B' àbhaist do na tuathanaich timchioll Shidni a bhi faighinn ochd deug us fichead sent am punnd air an cuid ime fad an t-samhraidh, ach am bliadhna cha 'n fhaigh iad air ach coig deug no sia deug.

Chosg baile New York, air a bhliadhna 'n uiridh, còrr us muillein dolair (\$1,085,330) ann an soillseachadh sràidean a' bhaile air an oidhche.

Chaochail fear de bhuill na h-Ard-Phàrlamaid, Mr. C. E. Pouliot, a siorrachd Temiscouta, an Cuibeic, air an t-seachdain s'a chaidh. Cha robh e anns an Ard-Phàrlamaid ach beagan us bliadhna. Bha e 'na fhear-lagha, agus bha e da fhichead bliadhna 'sa h-aon a dh' aois.

Chaidh càin da dholair, a bharrachd air còig dolair cosguis, a chur air duine ann am Musquodobit, N. S., an la roimhe, a chionn nach robh e biathadh a chuid each mar bu chòir dha. Bu mhath an airidh, agus cha b'e na aonar a thoill déiligeadh ris air an dòigh ud.

Chaidh dithis bhraithrean, Simon agus Jeffrey Boudrot, a bhàthadh

ann an Arichat a sheachduin gus an Di-luain s'a chaidh. Bha iad fhéin agus bràthair eile a mach le bàta a' glacadh ghiomach 'nuair a chuireadh am bàta thairis. Ghreimich an treas fear ris a bhàta, agus fhuair e gu tir beò, ach bha 'n dithis aca-san air am bàthadh. Bha fear dhiubh pòsda, agus dh' fhad e coigear chloinne.

Iadsan a Phaigh.

Seonaid A. Ceanadach, <eng>Valley Mills.<gai>
Alasdair Caimbeul, <eng>Centreville.<gai>
A. D. MacNeill, <eng>Orangedale.<gai>
Eobhan Moireastan, <eng>Marion Bridge.<gai>
Calum Bryden, am Baigh 'n Ear.
Iain Domhnullach, am Baigh 'n Ear. \$1.50
I. F. Murphy, Acarsaid Chloinn Fhionghain.
R. H. MacCoinnich, Forks Shidni.
Donnacha Mac Gill-fhinnein, Sidni. \$2.00
An t-Urr. Iain Friseal, Cladach a Tuath.
An t-Urr. Calum Mac Leoid, Baile nan Gall.
A. D. Mac Cuthais, Taobh Loch Lomond,
Seumas Calder, am Beigh 'n Iar. \$2.00
Iain Mac Coinnich, Gut Mhira.
Tearlach Buchanan, Sidni Tuath.
Aonghas Buchanan, <eng>Marsh Lake.<gai>
Bean Choinnich 'Ic Gill-fhinnein, <eng>Melford.<gai>
R. H. Mac-a-Phearsain, <eng>Blue's Mills.<gai>
Uilleam A. Moireastan, Sidni. 50c
Seumas R. Dughlach, Grand Mira Tuath. 50c
Aonghas Mac Fhearghais, <eng>Port Morien.<gai> 50c
Seonaid Mhathanach, Drochaid na h-Aimhne Tuath, (25c).
Barbara C. Leitch, <eng>Binkham, Ont.<gai> 25c
Iain Mac Thearlaich, <eng>Ottawa, Ont.<gai>
D. I. Caimbeul, <eng>Hamilton, Ont.<gai>
Iomhar Mac Cuinn, <eng>Stayner, Ont.<gai>
N. A. Domhnullach, <eng>Ripley, Ont.<gai>
Iain Dughlach, <eng>Sowerby, Ont.<gai>
Iain Mac Amhlaidh, Tobar-Mhoire, Ont.
An t-Oillear I, D. <eng>Prince, Ringwood, N. J.<gai>
Bean Iain Dhùghlaich, <eng>Moreton, N Dak.<gai>
Donnacha Caimbeul, <eng>Virden, Man.<gai>
D. C. Dùghlach, <eng>Regina, Assa.<gai>
D. M. Mac Fhionghain, Glenmartin, E. P. I. \$4.00
Aonghas Mac Neacail, <eng>Elliot's P. O. E. P. I.<gai>
Donnacha <eng>Blue, Little Sands, E. P. I.<gai>
Uisdean Mac-an-Tòisich, Loch Katrine, N. S. \$2.00
A. R. Mac Leoid, <eng>Stirling,<gai> Alba.

Tha sinn duilich gu 'n d' rinn sinn dearmad air ainm Aonghais 'Ic Neacail, á Elliot's, E. P. I., a chur anns a phaipeir roimhe so. Ma tha neach sam bith eil' ann air an d' rinn sinn dearmad, bu mhath leinn cluinntinn uaithe, oir tha toil againn creideas a thoirt do gach aon air son na chuir e ugainn.

BAS.

Aig a Bharasois air Di-donaich an 20mh latha de 'n mhios s'a chaidh, Niall Mac Neill, (Niall Mac Sheumais Neill) tri fichead bliadhna 'sa tri a dh' aois. Bu duine e air an robh meas mor aig a choimhearsnaich, agus air an robh deagh chliù aig na h-uile. Dh' fhàg e bean us ceathrar chloinne. R. I. P.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte. Sgrìobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

CARADH

Uaireadairean

Glanadh,

\$0.50

<eng>Mainspring,<gai>

.60

An da chuid,

1.00

<eng>W. H. WATSON<gai>

Air an t seann Laraich.

<eng>Baddeck, C. B.<gai>

NUAIR THEID THU 'BHADDECK

taghail an stor

<eng>Albert I. Hart.<gai>

Tha Stor mor aige dhe na h-uile seorsa bathair.

Bathar Tioram Bathar Cruaidh

Amhlan, Aodaichean, Caiseart,

Adan, Curraichean, agus iomadh ni eile.

An seorsa 's fhearr 's a' phris a's isle.

<eng>ALBERT I. HART.

Baddeck, Aug. 1, '90.<gai>

NIALL DOMHNULLACH,
CEANNAICHE.

Ti, Siucar, Amhlan, Milseanan, &c.
Leabhraichean Gailig dhe gach seorsa.
Mu choinneamh Tigh-Osda Dhunlap.

<eng>BADDECK, C. B,<gai>

Tha e na fhear-gnothuich do'n MHAC-TALLA, agus faodar pris a
phaipear, agus ainmean luchd ghabhail thoirt dha.

CUIR A DH' IARRAIDH A MHAC-TALLA
\$1.00 SA BHLIADHNA.

[TD 6]

[Vol. 6. No. 1. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 3.)

a' dh' ionnsuidh a' gheata agaibhse, agus ghabh sinn de dhanadas
oirnn fhein bualadh aige. Cha 'n urrainn sinn innseadh cho taingeil
's a tha sinn air son gu 'n do leig sibh a steach sinn, agus gu 'n
robh sibh cho caoimhneil ruinn. So a nis, a bhain-tighearna, na
bheil agamsa ri innseadh mu thimchioll mar a chaill mi mo shuil
dheas, agus c'arson a thug mi dhìom an fheusag, a lom mi mo
mhaileadhan, agus a tha mi an so an drasta.

"Foghnaidh sin," arsa Sobaide; faodaidh tu a bhith falbh a dh' aite
sam bith a thogras tu."

Ghabh an caladair a leithsgeul, agus ghuidh e air na mnathan-uaisle
leigeadh leis fuireach gus an cluinneadh e eachdraidh a dhithis
chompanach, agus eachdraidh nan triuir dhaoine eile a bh' anns a'
chuideachd.

Thug na mnathan-uaisle an cead so dha; agus bha e gle thaingeil.

Chuir an eachdraidh so a dh' innis a' cheud chaladair iognadh gu
leor air a' chuideachd gu leir, ach gu sonraichte air an rìgh.

Ged a bha na seirbhisich 'nan seasamh 's an t-seomar le claidhnean
ruisgte 'n an laimh, cha b' urrainn an rìgh gun labhairt ris an ard-
chomhairleach ann an cogar mar so:—"Is iomadh naigheachd a chuala
mi, ach cha chuala mi naigheachd riamh fhathast a bheireadh barr air
naigheachd a' chaladair."

An uair a bha e 'labhairt nam briathran so, thoisich an dara
caladair ri innseadh eachdraidh a bheatha fhein do Shobaide.

(Ri leantuinn.)

AISLING DHOMHNUILL.

Bha iasgair òg aon uair, an àird an iar na h-Alba do 'm b' ainm Domhnull. Air feasgair ciuin, blath samhraidh, nuair nach robh deò gaoithe ann, bha e 'na shuidhe air creig air a' chladach, a' càradh a linn, agus ag amharc air na tuinn a bha ruith gu tir agus a' bualadh a' chladaich le fuaim ceòl mhor agus ciuineachail. Am feadh agus a bha e mar sin thuit e 'na chadal agus bhruadair e gu 'm faca agus gu 'n cuala e na nithe a leanas: Shaoil e gu 'n robh e a' dol troimh ghleann fhada, dhorcha, dhomhain, anns nach robh ach ceum garbh a threòraich a suas gu bealach aig a' cheann eile. Air da am mullach a' ruigsinn, chunnaic e an sealladh a bu bhoidhche a chunnaic e riamh. Bha e 'na sheasamh air mullach beinne airde, agus fada fodha air gach làimh bha cnuic ghasda uaine, agus machraichean farsuinn, air an uisgeachadh le aibhnichean luatha, fìor-ghlan, agus an sud agus an so bha coilltean daraich agus giuthais, agus anns an astar cho fada agus a b' urrainn da faicinn bha beanntan mora, arda, a' folach an einn aosda anns a' cheò, agus uillt bheaga a' tuiteam a nuas o an sliosaidh creagach agus a' ruith gu mear troimh na glinn bhoidheach ann an gathan na greine.

Fad air falbh bha taigh mòr, agus lios mhòr ghasda mu thimchioll agus air sgeoid bhig de fhearann seasg, clachach, bha dha no thri de bhothannan beaga iosal, ach cha robh clachan no taighean eile am fradharc, ged a bha laraichean loma gu leòir ri 'm faicinn anns gach àird. Cha robh fuaim ann ach meilich nan caorach ag ionaltradh am measg nan larach, agus ceilearachd nan eun a dh' eirich as an fhraoch na h-uile ceann tacain. Chaidh e an sin leis a' bhruthach agus air da bun na beinne a' ruigsinn chunnaic e ceum garbh, caol, a rinneadh leis na caoraich troimh an fhraoch; lean e an ceum so astar goirid gus an do rainig e rathad mòr agus mhothaich e duine tighinn d'a ionnsuidh. Nuair a thàinig am fear so far an robh Domhnull, chuir e failte mhodhalach, uasal air, agus chuir Domhnull a leithid eile air-san. Le sin chuir an duine impidh air a dhol comhla ris a dh' ionnsuidh baile big a bha fad air astar far am faigheadh iad lan di bheatha agus fardach oidhche. Bha e fo amharus an toiseach mu dheidhinn a' choigrich so, ach co dhiubh, dh' aontaich e a dhol leis agus dh' fhalbh iad le cheile. Dh' fhoighnich Domhnull ris cia as a thàinig e, agus fhreagair esan o nach do rugadh e ann am baile mòr gu 'n robh naire air a bhì ag ainmeachadh an àite bhochd as an d' thàinig e. Chuir am freagairt so iongantas mòr air Domhnull oir tha fios againn uile nach eil naire air Gaidheal sam bith, an t-àite anns an d' fhuair e arach ainmeachadh; ach ged a bha iongantas air cha d' thuirte e tuilleadh mu dheidhinn aig an àm sin. Bha an rathad mòr air an robh iad a' coiseachd 'gan treorachadh thairis air àitean-monaidheal, aonaranach gus an do rainig iad mu dheireadh—agus an dorchadas a' tighinn orra—cladach creagach air an robh beagan sheann bhàtaichean agus air coimhead mu an timchioll chunnaic iad faisg air làimh, spréidh agus taighean agus na daoine leis am bu leis na bàtaichean. Nuair a chunnaic na daoine iad thàinig iad gu luath do an ionnsuidh agus chuir iad failte chridheil orra le cheile, agus thuig Domhnull o na thuirte iad, gu 'n robh lan eòlas aca air an duine a bha comhla ris, agus fhuair e mach gu 'm b'e Ruairidh a b' ainm da ged a b' fhearr leis gu 'n abaireadh daoine

“Roderic” ris air eagal agus gu ’n saoiladh feadhainn gu ’m buineadh e do theaghlach bhoichd. Thug na daoine an dithis leo do ’n bhaile agus chuir iad an oidhche seachad anns an taigh aig aon de na h-iasgairean. Dh’ innis Ruairidh do Dhomhnall gu ’n robh sinnsear a’ mhuinntir so, saor, neo-eisiomalach, sealbhach, ach chaidh an ceannsachadh le cinneach borb, fuilteach, mealltach, agus o an àm sin sìos bha an sluagh ’nan tràilleann rùisgte, gun mhisneachd, gun dòchas. Cha robh coir aca air oirleach de thir an athraichean; gu dearbh, cha robh iad ach ’nan coigrich ’nan dùthaich fein agus mur b’ urrainn daibh màl trom a phaigheadh, bha e ceadaichte do thighearnan an fhearainn, an crodh a ghlacadh, an taighean a losgadh, agus gach aon diubh fhògradh a mach as an dùthaich. Dh’ fhuirich Domhnall beagan mhiosan anns an àite so agus chunnaic e féin gu ’m bu bhrònach an daorsa anns an robh an luchd-aiteachaidh; bha iad ’nan tràilleann maraon dhaibhsan a thug buaidh orra agus do thighearnan an fhearainn, ach rinn am buadhaichean oidheirp cho seasmhach, seolta, fealltach air cur as do gach smuain dùthchasach, fearalach, agus nach do mhothaich an sluagh an cor suarach anns an robh iad, oir is ann a ghabhadh iad mòran chorruich, nan abaireadh neach nach robh iad ’nan daoine gaisgeil, treuna; ach ged a chuireadh na miltean diubh a mach as an taighean agus as an tir a bha aig an sinnsear fad iomadh linn, cha do bhuaill iad aon bhuille air an son féin, ach dh’ fhalbh iad cho samhach, sìtheil ris na caoraich a thàinig ’nan àite. Fhuair e mach o na h-iasgairean gu ’n robh am baile air a riaghladh le ceithir daoine mòra: am bailidh, am ministear, am maighstir-sgoil agus an t-osdair, agus gu ’n robh iad so ’nan dian naimhdean do ’n luchd-aiteachaidh. Thainig iad á aitean eile agus b’e am ministear an t-aon fhear diubh aig an robh facal de chainnt an t-sluaigh, ach rinn an ceathrar an dichìoll air muinntir a’ bhaile a chumail fo chuing tighearna an fhearainn. Bha am ministear ’na dhuine cruaidh, spìocach, mealltach, agus bha e ro dheidheil air greim a dheanamh air nithe matha an t-saoghail so. Labharadh e an aghaidh seinn òran anns a’ chàinain dùthchasach ach cha ’n abaireadh e facal an aghaidh na misge. Theireadh e gu ’n robh e ’na pheacadh do dhuine boichd, bradan a thoirt as an abhainn, ach cha robh guth aige riamh an aghaidh tighearn an fhearainn a bhi goid croitean nan daoine boichda. Ni sam bith a theireadh na h-uachdarain an aghaidh an t-sluaigh bu chinnteach gu ’n cuireadh am ministear taic ris. B’ abhaist da bhi searmonachadh o cheann-teagaisg mar a leanas, “Cuir an cuimhne dhaibh bhi ùmhal,” no mar so, “Is beannaichte iadsan a ta boichd ’nan spiorad,” an aite a bhi ag ràdh riu, “Co dh’ eireas leam an aghaidh luchd-deanamh an uile?” mar bu chòir da ràdh. Cha robh am maighstir-sgoil dad ni b’ fhearr na am ministear oir theagasg e sanntachd, fein-eileachd, agus tràillealachd do ’n oigrìdh. Bha e ag ràdh nach robh ann an càinain an t-sluaigh ach cainnt airson dhaoine borba agus gu ’m bu ghlic iad a bha ’ga fàgail agus ag ionnsachadh càinain am buadhaichean a chum agus gu ’n rachadh iad a dh’ ionnsuidh dùthchannan cein far am faigheadh iad pailteas airgid. Thuirt e mar an ceudna, nach robh feum ann a bhi deanamh oidheirp air an dùthaich féin a leasachadh oir cha robh ann an gradh-dùthcha ach amaideachd. Chreid an oigrìdh fhaoin na thuirt e agus rinn iad dearmad

[TD 7]

[Vol. 6. No. 1. p. 7]

air cànan agus cleachdaidhean an sinnsear agus rinn iad sodan ri am buadhaichean. Le teagasg de 'n t-seorsa sin cha bu iongantach nach robh gradh-dùthcha aig aon diubh, no nach robh spèis aca do an cinnich fein; oir cha do chuala iad riamh facal mu dhuinealas, agus a thaobh ard-inntinn, cha robh fios aca-san no aig a' mhaighstir-sgoil e-féin ciod a bu chiall do na facail. Bha irisleadh na h-oigridh cho iomlan agus gu 'n diultadh iad ainm na dùthcha innseadh do choigreach agus nuair a dh' fhoighnich Domhnull ri gille ciod e b' ainm do 'n dùthaich sin, sheall an gille mu a thimchioll le coltas eagallach agus fhreagair e nach bu toigh leis na buadhaichean ainm na dùthcha bochda, boidhche sin a chluinntinn agus air an aobhar sin b' àbhaist daibh a bhi ag radh N. P. nuair a bha iad a' labhairt mu a deidhinn. Thug Domhnull buidheachas do 'n fhreasdal nach d' fhuair oigridh na Gaidhealtachd a leithid sin de theagaisg.

A thaobh an osdair bha e dìreach mar a tha a leithid anns gach dùthaich fo 'n ghrein agus is e sin mallachd cho dona agus a thàinig riamh air an duine. Bha an sluagh trom air a' mhisg agus bha na h-uachdarain agus an t-osdair gle thoilichte gu 'n robh, oir bha fios aig na h-uachdarain nach deanadh misgearan oidheirp air bith air saorsadh na dùthcha a thoirt air ais, agus bu chinnteach an t-osdair, gu 'm bitheadh a bhuannachd fein math. Dh' fhoighnich Domhnull ri a charaid Ruairidh an robh a' mhuinntir uile mar so feadh na dùthcha agus fhreagair e gu 'n robh iad ni 's miosa anns na bailtean mòra oir b' àbhaist daibh a bhi ruith an deidh nan ceart uaislean a ghoid tir an sinnsear bhuapa. Bha iad 'nan traillean riarraichte, cor cho iosal agus is urrainn do dhaoine a ruigsinn. Faisg air a bhaile bha taigh mòr air a chuirteachadh le achaidhean siolmhor. Is anns an taigh so a bha am baillidh a' còmhuidh, duine a bha sonruichte airson aintighearnas agus uibhreachd; bha e air a lionadh le h-arral agus shaoil leis gu 'n robh e 'na dhuine ni bu mhò na rìgh sam bith air thalamh, ach dheanadh e gnìomh suarach sam bith airson airgid. Bha a' mhuinntir thruagh, fhaoin air an spùilleadh agus air an sàrachadh leis, ach ged a bha, b' àbhaist daibh an cinn a chromadh sìos agus am boireidean a thoirt diubh gach uair a thachradh iad air. Dh' fhàs e ni bu mhiosa gach latha agus gun fheòraich co-dhiu an robh e ceart no nach robh, cho luath agus a bha e 'na chomas, cheannaich e fearann agus thilg e na tuathanaich a mach as. Bu lionmhor iad a chuir e as an croitean, ach ged bha fuath mòr aca da cha robh neach ann aig an robh a' chridhe a radh ris, "Is olc a rinn thu." Bha an rìgh agus na h-ard-uaislean uile a' cumail neo-àitichte mòran mhiltean acairean de 'n dùthaich airson na sealgaireachd, agus air an aobhar sin nam faigheadh duine moran airgid, cheannaicheadh e oighreachd agus bhitheadh e 'ga fàsaicheadh, a chum agus gu 'n saoilleadh feadhainn gu 'n robh e de na fìor uaislean. B'e tighearn an fhearainn so fear de 'n luchd-buaidh agus chum e an oighreachd mhòr, bhoidheach sin mar fhàsach-fhiadhaich a thaobh ardanas agus a nochdadh gu 'n robh e 'na dhuine triathail. Bha e a' tagairt nach robh coir aig neach sam bith uiread agus bileag fheoir a lubadh fo a chasan air an fhearann aige-san gun

chead fhaighinn. Cha robh e còmhnuidh anns an dùthaich ach trì no ceithir seachduinean gach bliadhna, oir cha bu toigh leis aon chuid an dùthaich no an luchd-àiteachaidh. Thigeadh e ann an toiseach an fhoghair agus bheireadh e comhla ris bannal chairdean; daoine truailte cosmhuil ris féin. Chuireadh iad seachad an ùine a' sealgair eachd nam fiadh agus nan eun fad an latha agus bhitheadh iad ag òl dibhe làidir agus ag iomairt airson airgid feadh na h-oidhche. Bha Domhnull a' smaoin eachadh air na nithe so uile agus is e so an co-dhunadh gus an d' thàinig e: cho fada agus a bhitheadh na feidh anns na frithean, nach fhaigheadh duine sam bith fearann a chur gu feum, ach nam bitheadh na h-ainmhidhean so air an sgrios gu 'm faigheadh an sluagh fearann gu leòir. Bu chinnteach e gu 'n robh a' mhuinntir 'nan amadan, oir bu fhurasda fhaicinn nam bitheadh am fraoch air a losgadh gu 'm bitheadh crìoch air a' ghnòthuch; agus mar sin chaidh e do 'n mhonadh aon latha agus chuir e teine ris an fhraoch. Ach mo thruaigh! bha a charaid Ruairidh 'ga fhaicinn, agus ruith e gu luath a dh' ionnsuidh taigh a' bhaillidh agus dh' innis e da an ni a rinn Domhnull. Gu grad thionail am baillidh na h-uile duine a bha fo a smachd agus chuir e iad an toir air Domhnull. Chaidh iad a dh' ionnsuidh na h airde far an robh an smuid ag éiridh gus an speur agus cha bu fhada gus am fac iad e agus e a' sealltuinn do 'n ionnsuidh-san. Nuair a chunnaic e iad an toiseach shaoil e gu 'n robh iad a' tighinn a chum buidheachas a thoirt da airson na rinn e air an son, agus air an aobhar sin dh' fhan e 'na sheasamh, ach air daibh tighinn suas ris làimhsaich iad e gu garbh agus le sin-dhuisg Domhnull. Air fosgladh a shùilean da agus coimhead mu a thimchioll thuig e nach deachaidh e as a' Ghaidhealtachd, dùthaich far am beil na ministirean a' searmonachadh gach latha Sàbaid o'n cheann teagaisg so, "Is an-aoibhin dhuibh-sa a ta cur taigh ri taigh, agus a' cur achaidh ri achadh, gus nach bi àite ann, agus gu 'n gabh sibh còmhnuidh air leth ann am meadhon na tire." Bha e toilichte gu 'n robh e còmhnuidh ann an Albainn, far am beil Latha Allt a' Bhonnaich air a chumail air cuimhne le teintean-aighear agus le gairdeachas mòr a dh' aindeoin na their na Sasunnaich.

L. L.

Tha barrachd Mhohamedanach 'nan iochdarain aig Ban-Rìgh Victoria na th' aig Sultan na Tuirce. Tha 40,000,000 aice-se, agus 33,000,000 aige-san.

D. A. Mac FHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN

DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche, Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, — — — C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

Gach seorsa bathar
—AIG—
<eng>McDonald Hanrahan & Co.,<gai>
SIDNI, C. B.
BATHAR MATH. PRISEAN ISEAL.

[TD 8]

[Vol. 6. No. 1. p. 8]

Albainn.

Fàilte le dùrachd do dhùthaich nan àrd-bheann—
An dùthaich a's àille measg rioghachdan an t-saoighil
Tha Galdachd 'us Gàidhealtachd gar tàladh le càirdeas,
Gu dachaidh nan àrmunn; tir aghmhor ar gaoil;
Daingeann 'us làidir tha lárach nam fraoch-bheann,
Mar fhreiceadan laochraidh le'n sùil air a' chuan,
'S troimh d' chluanagan brìoghmhor tha'm fìoruisg' a' braonadh—
Ar cridhe tha 'g aomadh riut, Albainn nan stuadh.

Alba! Tha t-eachdraidh ag innseadh deadh sgéil ort,
Do mhic cha do ghéill 'n uair a dh'éirich an nàmh,
Air chuimhne gu dìlinn bidh gnìomh nam fear tréuna
'Us gloir an cuid éuchd bidh mar shéud aig gach àl
Tobar nan dàn thu a shàsaich na ceudan,
'S nan òran a ghleusas an cridhe gu ceòl,
Sud dùisgidh gach aigne am bannaibh a cheile,
Gu caidreamh beusach, gun éucoir, gun ghò.

Tha cuimhneachain lionmhor ri fhaotuinn 'n ad chriochan,
Bhios maireann lan brìgh aig gach linn agus àl,
Am Martarach dìleas 's an Bàrd a sheinn binn ort,
Tha seinn 'us a stri dhuinn as ùr mar a bha;
Dachaidh an fhìr-eoin 's nan ciar bheanna fraochach-
Dachaidh nan saoi le'n cuid bhreacan 'us clò,
Tha Nàdur gu lèir a cuir sgèimh agus aoidh ort,
Cha léir dhomh cho greadhnach ri Albainn a' cheò.

Eadar. le AONGHAS OG.

'S Cianail M' Aigne.

LE UILLEAM MAC COINNICH.

'S cian-ail m'aigne bho na mhadainn,
Ghabh mi cead de'n ri-bhinn,
Ti cho tait-neach riut cha'n fhaic mi,
Ann an dreach no fiamh-achd;
Bu thrian de m'lòn do bhriathran beòil,
A' teachd mar cheòl á sìbhruth;
'Si'n t-seirc a tha nad' bhràghad bàn,
A thaisg mo ghràdh gu dìomhair.

Ciochan corrach, lionta soluis,
Air do bhroilleach reidh-ghlan;
Do sheang-shlios fallain mar an eala,
No mar chanach sléibhe.
Bas ionmhuinn, caoin nan geala-mheur caol,
A' dealbh nan craobh air péurlainn;
'S tu fialaidh glic, 's do chiall gun tig,
Air dìomhaireachd nan reultan.

Do bhràighe glè-gheal mar ghath gréine,
D'aghaidh réidh, glan mòdhar;
Siunnailt d'éugais 's tearc ri fhéutainn,
Gur tu reul nan òighean.
Gur bachlach, dualach, cas-bhui', cuachach,
D'fhalt ma'n cuairt an òrdugh;
'S ann tha gach ciabh mar fhàinn' air sniamh,
'S gach aon air fiamh an òir dhiubh.

'Nighean aingil nan rosg malla,
'S nan gruaidh glana, nàrach;
Dà shuil ghorm, mheallach, fo'd chaol-mhala,
'S gach aon a' mealladh gràidh dhiubh.
Tha mais' ad ghnùis, gun easbhuibh mùirn;
Beul meachair, ciùin, ni mànrán,
Do bhriodal caomh, 's do loinn maraon,
A rinn mo ghaol-sa thàradh.

Corp seamhaidh, bàn, choi'lìonas gràdh,
Gach tì a thàradh iùl ort;

'S ann tha do shnuadh toirt barr air sluagh,
'S tu 'n ainnir shuairce, chliùteach.
Do dheas chalpannan ro dhealbhach,
Gun bhi meanbh, no dùmhail;
Troigh chruinn, chòmhnard, dh'fhalbhas modhar,
Nach dean feòirn' a lùbadh.

Cho glan 'us tù 's neo shoilleir dhùinn,
'S mar 'ghealach thu 'n tùs éiridh;
Beul tana mùint', 'us anail chubhraidh,
'S siunnailt thù do Bhenus.
'S e chrùn do thlachd déud ùr mar chailc,
Air dlùthadh ceart ri chéile;
O'n tig an t-òran éutrom, ceòlmhor,
Mar an smeòrach chéitein.

Bho Fhlath nan dùl, tùs rath' fhuair thu,
Bhi modhail, ciuin, gun ardan;
Tha iochd, us cliù, 'us loinn, 'us mùirn,
Air glaodhadh dlù ri d'nàdur.
'S tu air do bhuaibh á friamh nam buadh,
De'n tréun-fhuil uasail, stàtail;
Thu fialaidh, pailt, an gnìomh, 's an tlachd,
'S do chiall co-streup ri d'àillteachd.

Mi cian o d' chaidreamh, 's buan domh fhaidead,
Dh'fhàg sud m' aigne pianail;
Osnaich do ghnà, gun fhios, gun tàmh,
A fhrois gach blath dheth m' fhion-fhuil.
'S e bhrosnaich deòir 's a chlaoidh mo threoir,
An rìbhinn òg so thriall uainn;
'S tu 's trom a dh'fhag mi 'òigh mo ghràidh,
Le d'bhron a tà mi cianail.

'S cianail m' aigne o na mhadinn,
Ghabh mi cead de'n rìbhinn;
Ti cho taitneach riut cha'n fhaic mi,
Ann an dreach no fiamhachd.
Bu thrian de m' lòn do bhriathran beòil,
A' teachd mar cheòl á sì-bhruth;
'S i 'n t-seirc a tha na d' bhràighe bàn,
A thaisg mo ghradh gu dìomhair.

Thainig bàs gle aithghearr Di-haoine s'a chaidh air Seumas Stiubhairt, ann an Pictou, mac do'n Urr. Murchadh Stiùbhart, a bha àireamh mhor bhliadhnaichean 'na mhinisteir ann a Hogamah. Thuit e marbh ann an cathair 'na oifis fhéin. Chaidh an cléreach aige mach, 'ga fhàgail a reir coltais ann an slàinte mar a b'abhaist, ach air dha tilleadh an ceann beagan mhionaidean fhuair e marbh e. 'Se tinneas a chridhe thug a bhàs. Bha e 'na fhear-lagha math, agus 'na dhuine gle mheasail.

Càlldaichidh 'm biadh fiadh na beinne.

THA LUCHD-LAGHA.

agus gach neach eile bhios ri obair-eanchainn buailteach do Stamag Gheur, no Ghaothar, Losgadh-bràid, ceann-goirt, Teanntachd, agus iomadh eucail eile a th' air an aobharachadh le Cion-cnamhaidh. Air teisteannas àireamh mhor de dhaoine ainmeil, mholamaid K. D. C. agus <eng>K. D. C. Pills,<gai> mar an da leigheas mor air son nan eucailean sin. Bheir iad faothachadh mor, glanaidh iad an eanchainn agus na sùilean, agus cuiridh iad neart ùr anns a chorp gu h-iomlan. FEUCH IAD.

<eng>K. D. C. Company, New Glasgow, N. S., and 127 State St. Boston, Mass.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>C. P. MOORE.<gai>

THA SINN A CREIC,

Paipear-tearra Tairnnean

Luaidhe Glaine

Glasan Tuaghannan

Saibh Olla

Sguabaichean Bucaidean

Lainntearan Fudar

Sgeinein Siosaran

Paipear-tubhaidh.

SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Taillear.

SIDNI - - - - C. B.

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 9]

[Vol. 6. No. 2. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHAN AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 9 IULaidH, 1897. No. 2.

A Loch Lomond.

FHIR-DEASACHAIDH IONMHUINN:—Bha rùn orm sgrìobhadh ad ionnsuidh o chionn fada, ach chuir mi dàil ann riamh uige so. Tha sean-fhacal ag radh, “An rud a theid air dàil theid air dearmad,” agus cha ’n eil teagamh nach robh sin air éiridh dhòmhsa mur b’e gu’ m faca mi an litir thaitneach a chuir an “Cuairter” anns a’ phaipear. Anns an litir sin mhol e Loch Lomond gle mhath ach cha do mhol e idir i mar a dh’ fhaodadh e. Dh’ àraich Loch Lomond triùir mhinisteirean nach do dh’ ainmich esan idir. B’ ann diubh sin an t-Urr. Uilleam Moireastan, á Loch na h-Earradh, agus na h-Urr. Tormaid Mac Leòid agus Donnachadh Mac Coinnich, á Loch Uidhist. Bha mar an ceudna dithis Mhoireastanach a tha ’nan lighichean, air an àrach an Loch na h-Earradh. Ach tha mi creidsinn nach cuala ’n “Cuairtear” iomradh sam bith orra so, ar-neo dh’ ainmicheadh e iad. Thuig mi gle mhath co e, ged nach robh moran eòlais agam air, agus mur do leig e dheth a’ bhàrdachd, nach neonach nach d’ rinn e rann no dha do ’n each a thainig ri bheatha fhéin. Thug an “Cuairtear” deagh chomhairle air na gillean, iad a dh’ fhàgail nan each aig an tigh, na ’n gabhadh iad i; ach ’s iad nach gabh, ’s gur ann ’nuair a bhios e dol a choimhead air a leannan a’s fhearr leis gach fear dhiubh each a thoirt leis, gu seachd sònruichte ma ’s each luath e. Ach ’s fhearr dhomh sgur gu ’n fhios nach gabh iad gu h-olc e. A’ guidhe soirbheachadh math le MAC-TALLA an latha chi ’s nach fhaic, Is mi, B. M.

A Loch a’ Chanu.

Bha pic-nic againn ann an so air an 22 latha de ’n mhios s’a dh’ fhalbh; smaoinich sinn nach bu chòir dhuinn an latha bhatar a coimhead anns gach cearna de fhearann Breatuinn a leigeadh seachad gun ni-eigin de chridhealas a bhì againn. Bha a’ phic-nic gle mhath, bha àireamh mhath cruinn agus bha seinn gu leòr againn. Thug sinn treis a’ coiseachd ’nar càraidean, agus a reir mo bharrail fhéin b’e sin a’ chuid a b’ fhearr, dhe ’n chùis air fad. Ged nach robh ar n-àireamh gle mhor, bha ar meàrsadh cho math ’s ged a bhitheadh air

a n-ùine chur a stigh 's an arm.

Tha Pàdruiġ Dùghlach, a bha 'cumail sgoile an so o chionn bliadhna a nise gu ar fàgail, agus tha sinn gle dhùilich, oir tha sinn uile gle mheasail air. A bharrachd air e bhi deanamh a dhleasanais mar mhaighstir-sgoile cho math 'sa dh' iarramaid, bha e re a gheamhraidh a cumail sgoil-sheinn, agus fad na h-ùine bha e maille ruinn, bha e gach latha Sàbaid a teagasg Class Biobuill Gàilig; tha sin an deigh roinn mhor dhe 'n òigridh a thoirt gu bhi 'leughadh na Gàilig gu fileanta, agus cha b' iongantach leam ged a chuireadh e àireamh de luchd gabhail ùr an rathad MHIC-TALLA.

Bha na giomaich anabarrach gann ann an Gabarus am bliadhna, na 's gainne na bha iad riamh roimhe. Dh' fhàg sin tuarasdal nan iasgairean iseal, agus chuir e na gillean 's na h-igheanan a bha 'g obair anns na factoridhean dhachaidh na 's tràithe na b' àbhaist dhaibh. Agus, ged is bochd leinn iad a chall na h-obrach, 's math leinn am faicinn gu slàn, fallain.

Tha muinntir an àite so stigh ann an Sidni na h-uile seachdain a' ceannach flùir agus gach goireas eile a bhios a dhith orra. Gheibh iad gach seorsa bathair gu math na 's saoire an sin na gheibh iad an Gabarus e. Tha am flùr an Gabarus a' creic eadar sia dolair 's sia us cairteal am barailte; gheibh sinn ann an Sidni e air ceithir dolair. Tha marsantan Ghabarus air son na tha iad a' call air na giomaich a dheanamh suas air an fhlùr. Cha 'n fhaighear air im an so ach 13c. no 14c. am punnd, agus cha 'n fhaigh thu uiread us taing air na h-uidhean.

Bidh mi tigh'nn gu crich aig an àm so. An ath uair a sgrìobhas mi, theagamh gu' m bi barrachd agam ri ràdh. Slan leat. Is mise do charaid,

CEANN RUADH.

Seann Sgeulachdan.

MIANN NA BAN-EIREANNAICH.

Bha duine uasal àraid ann an Eireann agus bha a bhean ro throtn air an òl. Cha ro fiù a léine nach reiceadh i gu ceannach an uisgebheatha. Bha an duine air eigneachadh leatha, 's cha romh fios aige ciod e 'dheanadh e gu thoirt oirre 'n t-òl a thréigsinn. Mu dheireadh, 's ann a chaidh e gu lighiche 'bha 's an àite 'dh' iarraidh comhairle air son a galair.

"Am bheil e n'ur comas nì sam bith a thoirt domh air son bean a bhios a gabhail na daoraich?" ars' an duine.

"'N e puinnsean a tha uait" ars' an lighiche, "mas e, iarr gu fearail e, 's na bi 'deanamh éis?"

"O cha 'eil mise 'g iarraidh puinnsean, ach rud-éigin a bheir oirre

sgur de 'n òl."

"Na 'm b' urrainn mise leigheas a thoirt air a ghalair sin," ars' an lighiche, "bha m fhortan deanta. Ach coma co-dhiù, dian mar so nochd. Thoir leat galan uisgebheatha agus leig leatha òl gus gu 'm miannach leatha fhéin sgur; agus theid mise n' rathad 's a' mheadhon oidhche."

Mar so bha. Thug an duine leis an t-uisge bheatha. Dh' òl a bhean e, agus anns a' mheadhon oidhche, thàinig an lighiche. Dh' fhalbh an dithis leis a bhean, agus shìn iad i fuar marbh leis a mhisg ann an seilear iochdrach seann chaisteil a bha 's a' nàbuidheachd. An deigh beagan cadail, dhùisg i agus shìn i air feòrachd c' àite an romh i.

"Tha thu ann an tìr na bithbhuantachd" ars' an lighiche 'bha 'g a fhalach fhéin air a cùl-thaobh.

"Agus c' fhada 'tha mi 's an tìr so?" ars' ise.

"Tha còrr is bliadhna" ars' an lighiche.

"'S cinnteach gu' m bheil mi marbh ma tha mi cho fada sin ann" ars' ise.

"Tha cho marbh ri clach."

"Agus am bheil thusa marbh mar an ceudna?"

"Tha."

"Agus c' fhada tha thu 's an dùthaich so?" ars' ise

"Tha còig bliadhna," ars' an lighiche.

"Gun teagamh tha sinn uile marbh."

"Tha, gach neach againn."

Air do 'n lighiche 'm fheagairt so a thoirt di, rinn i suidhe agus air son seal beag lean i air smuaineachadh gu cùramach. Cha robh fhios aig an lighiche ciod e a bha i 'dol a ràdh.

Mu dheireadh thuirt i—"Tha mi cinnteach gu' m bheil thusa gu math eòlach 's an àite; am bheil fios agad c' ait' am faigh mi uisge beatha."

Cha robh fhios aig an lighiche ciod e 'dheanach e 'n uair a chunnaic e gu'n do shir i'n dram ann an dùthaich nan spioradan; 's thug e 'chasan as.

Bha latha no dha dhe 'n t-seachdain so anabarrach blàth, cho blàth 'sa thainig air an t-samhradh so. Tha 'n samhradh gle fhada tighinn air a bhliadhna so, ach 'nuair a thainig e, ma 'se 's gu 'n d'

thainig e, tha e blàth.

Is e 'n samhradh grianach 'ni 'm Fogharradh ciatach.

[TD 10]

[Vol. 6. No. 2. p. 2]

SURIDH RIASLACH.

Iomradh Ath-gearr Mu 'n Luidealach Uilleam Mor.

LE. AILEAN D. MACPHILIP.

Bha ceud 's na H-earradh cho tlachdmhor ri Uilleam Mòr, mar a's minig a theireadh a nabaidh Dòmh'ull, gidheadh bha geall mòr aig cuid do na cailleagan a bha 's a choimhearsnachd air. Cha 'n 'eil teagamh gu 'n robh an fhéill air cho mòr agus a bha e cuir an céill, ach bha e na riarachadh d'a inntinn fein, 's cha robh e gu call do neach eile, e bhi 'g altrum a leithid do so bheachd. Theireadh luchd a' mhi-rùin nach robh e faighinn gabhail ris cho caoimhneil 's a bha e 'g radh, 'nuair a bha e cho tric ag atharrachadh a lìn agus a fiachainn iolla ùr. Biodh so fìor na choachladh, tharlach air geamhradh àiridh gun fhuair Uilleam e fein air a tharruing gu làidir le maise Anna nic Eoghain agus b' ainneamh am feasgar nach robh e gu sùrdail a a stiùreadh a cheumanan air a' dachaidh 'nuair a chiaradh an là. 'S e chùis 'bu dorranaiche leis, agus dha, gu robh Anna gabhail a comhnuidh ann an eilean a dh'ionnsuidh nach robh e 'n comas tighinn gun chomhnadh gille ri àm na h-oidhche. 'Nuair a bhiodh a muir-làn ann bha 'n companach freagarrach gu cuidachadh iomraidh a thoirt seachad; agus 'nuair a bha 'n fhaoghail ann bha dithis iomchuidh chum agus nach biodh cothrom air a thoirt do na tannaig Uilleam a' sgioblachadh leo mar a dheanamh iad nam biodh e na aonar. Fhuair e companach gu thoil ann an Niall Breac, mac Mairi a bha coma gu de t-àm a rachadh e laidhe agus a cheart cho mi-shuaimheil mu cuin a dh' éireadh e. Chaidh an comunn a shuidhachadh air na cumhnantaibh a leanas: Uilleam gu leannan fhaighinn do Niall; Uilleam gu Niall aiseag air a dhruim an oidhche bhiodh an tràigh ann; Uilleam gu leth-bhodach san t-seachdain a sheasamh do Niall 'nuair a b' éigin dhaibh eithir a thoirt leo. Chaidh gach ni shuidheachadh gu freagarrach agus an sin thòisich an t-suiridh riaslach. Bha chùis cho neo-chinntach co 'n oidhche thigeadh na gillean agus nach robh e'n comas sùil a mach a chumail air an son daonnan; ach fhuair iad thairis air a so le doigh gle eifeachdach air aire na cloinn-nighean a tharruing 'nuair a thigeadh iad do 'n bhaile. B'e so an dòigh; bha tigh Eoghain fo bhonn brùich agus mulach an tighe cothrom ris a' chnoc, agus bha e mar so furasda ceum a chur thar na talamhainn gus an tota. Aon uair 's gu 'm faighte suas cha ro ni ach caoran mònadh a thilgeadh troimh 'n luibhear ma thuaram an ait' anns am biodh Anna na suidhe. Dh' oibrich so glé mhaith gus an do bhuaill caoran am bodach aon oidhche agus an sin thuig e gu de b' aobhar do 'n fharbhas a chleachd a bhi thall sa

chùl-mhòna far “nach cluinnt’ ach fuaim air cuman agus glig air coire,” fad na h-oidhche. Rinn e chùis cho teth do dh’ Anna ’s gun do dh’ aidich i gu dleasdhanach dha nach d’ thugadh i gnùis do dh’ Uilleam tuilleadh na do dh’ aon sam bith eile nach gabhadh àm agus doigh na b’ iomchuidh gu ’s a ghnòthuch a chuir an ceill na rinn esan.

Uaith sin a mach shuidhich Uilleam còir aigne air Mòrag Nigh’n Domh’uill, ban nabaidh Anna. Bha da aobhar air a so. B’e cheud fhear dòchas gun cuireadh e mi-shuaimhneas air Anna mar dhioghaltas air son a chead a thoirt dha; agus b’ e darna aobhar, eagal gu ’n canadh nigheanan a bhail’ aige fein gu ’n do fhairslich air leannan fhaighinn san eilean idir. Bha e na b’ fhasa caismachd a thoirt do Mhòrag an oidhch’ a thigeadh e, oir an aite streap gu mullach an tighe agus fios a lathairachd a chuir troimh an luibhear bha e na chomas e fein a dheanamh aithnichte da luaidh aig an uinneig. ’S e ’n fhirinn nach cuireadh an uinneag duilicheadas mòr roimh’ oir cha robh ann dhith ach an gad air an robh ’n t-iasg, ’se sin ri ràdh ceithir biorain agus luideag. Cha robh an luideag daonnan innt’ ach an uair a bhiodh an cathadh a muigh; agus aisde ’nuair bhiodh an ceo ’stigh. Air oidhche do na h-oidhchean fhuair Uilleam agus Niall iad fein gu h-aotrom, iollagach air a t-slighe gu Mòrag, Uilleam a gabhail “Orain Phabidh” (le Niall MacCoinnich).

“’S ann mu tiomchull tha ’n gàradh
Nach tuit bearn ás gu leumar e;
Cha tuit clach gu Là-bhràth ás
’S daingean làidir an stéidh a th’aig.”

Bha Niall air an leth-bhodach abhaistach òl, no mar theireadh e fein air “Mac-na-braiche chuir na dheann le slighe na firinn,” agus ga fhairachdain fein cho riarichte le shuidhachadh saoghalt’ ’s nach robh dhith air ach cothrom fhaotainn air caoimhneas a nochdadh da chomh-chreutairean. Bu mhòr a ghairdeachas mar sin ’nuair a thuig e gum bu mhiann le ’chomh-fhear-turuis gu faighadh e cas thioram thar na faoghlach. Thug e Uilleam thairis tioram, e fein a guilan bròg ann ’s gach laimh agus a bhriogais ma amhaich. Co tuath ’s a bha ’n cas air tir taobh thall a chaoil chaidh Uilleam suas a leigadh fhaicinn do Mhòrag gun robh e air teachd agus d’ fhàg e chompanach a dol na chuid aodaich agus na chaisbheart air an mhol. Air do ’n oidhche bhi car ciùin, an connadh fluich bha barrachd ’s a dhiol aig an luibhear na bha ga ruighinn do cheò leigadh roimhe agus bha mar so an uinneag ga chuidachadh mar a b’ fhearr a b’ urra dhith agus an luideag air a tilgeadh a thaobh. B’e so suidhachadh an teaghlaich ’nuair a rainig an siad am baile; bha bean an tighe gu trang ag armadh; ciarachan lan cloimheadh fo bhac a h-iosgaid; bha nighean a cireadh fa chomhair a ghealbhain, agus an sean duine na shineadh air a bheingidh gu dùrachdach a beachdnachadh air luchd a challanais. Le barrachd déigh air sealladh ceart fhaotainn do ’n nighinn, dhinn Uilleam a cheann a steach troimh ’n uinneig gun aon uair smaointeachadh air gum bu chomas do neach a bhi air an taobh sin do’n tigh. ’Nuair chunnaic am bodach an aogaisg fhiasagach bhiorach aig an t-suiriche tigh’n a stigh gu failidh shaoil e gu robh crìoch a thuruis air teachd, agus ghlaodh e, “’Mhuire coisrig mise, aodan

duine gun dad ceangailte ris air tigh'n a stigh!" Aig a cheart àm thug e leum na sheasamh, ach ann a bhi ga chruinnachadh féin dha 's gann nach do bhuaile e cheann ma 'n aghaidh a bha 'san uinneig. Shaoil Uilleam gur h-e 'n fhirinn a bh' aige, agus a gabhail ceann a bhodaich dha an riochd an "aodan gun dad ceangailte ris" leig a sgiama as a chuir crith air na bha stigh agus clisgeadh air moran a bha muigh. Shlaod e leis a cheann agus le barrachd na cabhaig spion e leis an uinneag às a' bhalla. Sios am mol gun deach e na ruith a giùlan a bhraighid iongantach so, uinneag a chliamhuinn ma amhich! Rainig e Niall ma's d' fhuair a dhol na chasbheairt agus 'nuair a dh' aithnich iad gu robh 'n toir orra, oir bha nis coin is gillean a' bhaile 'g an teann ruagadh. Dhall iad air an fhaognail an darna fear a di-chuimhneadh a bhrògan agus am fear eile giùlan tuilleadh 's na thug e leis bho 'n dachaidh. Bha mar a thachair gun amharus tubaisdach, leibideach, tamailteach do dh' Uilleam ach rinn e saorsa mhor a chosnadh da chorp riaslach nach leigadh an t-eagal tuilleadh thar na tràighad e. 'S e theireadh Niall nach cualas a leithid riamh bho na theich Samson le geata Ghasa. Na 'm biodh an uinnag na bu dìongalta bhiodh an sgeula na b' fhaide.

Thug Uilleam bòid nach faiceadh caraide no nàmhaid esan gu bràth tuilleadh, a' dol thar faoghail air sgath caileig agus chum e 'fhacal. Thug cràdh a mhuineal agus eagal nan con cuidachadh mòr dha gu bhi cho seasmhach. Air a' gheamhradh sin cha do leig a mach a chrodh na bu mhò, gidheadh 'nuair a bha 'n ath bhliadhn' ùr a' dlùthachadh air daoineibh sgithich e do d'fhuireach aig an tigh a leughadh. "Bliadhna Thearlaich," agus thoisich e air amharc mu'n cuairt an dòchas gu'm faigheadh e aon a thaitnedh ris, agus, mar nach bu mhiosa, aon ris an taitneadh e. Thachair so dìreach mar dh'iarradh e. Bha gabhail comhnuidh 'san ath bhaile duine bha glé mhaith roimh laimh ris an cainte Iain Bàn. Bha Iain riarichte gu leòir deth na bha e sealbhachadh do shaoibhreas saoghalta; ach cha robh teaghlach aige agus minic a d' fhàg so na bu lugha sannt air tigh'n dhachaidh tràth e air fheasgar na bhidh aige na'm biodh sùil ri bean is clann a bhi dol na choinneamh a chuir fàilte chridheil air. 'S minic mar an ceudna gur h-ann gu greannach h-aingalt a bhiodh a thigh'n gu tigh gu h-àraidh am feasgar a thaghladh e 'san tigh-òsda 'san dol seachad. 'S ann gu cuideachd a chumail rithe air a leithidibh so do dh' oidhche cho maith ri bhi deanamh còmhnadh leatha re an latha thug air bean Iain Bhain Ceit Ruadh, nighean a bràthar a thoirt leatha do'n bhaile. 'Se tighinn Ceit do 'n bhaile dh'

[TD 11]

[Vol. 6. No. 2. p. 3]

fhosgail suas do d' Uilleam cothrom eile air aon uair eile leannan fhaighinn agus sin ann an uidhe nach biodh aige ri traigh na tiomchiolladh a chuartachabh an a dhol ga faicinn. Bha fathast fad maith san oidch' air son ceillidh agus fìor dhrìp an aite gun toiseachadh air là Fheill-Brid, ùr 'nuair thachair Ceit ri Uilleam agus a dh'innis i dha gu robh h-uile coltas gu robh i gu bhi steach

na h-aonar air a chuid thrath do'n oidhche sin agus ma d'fhaodte gu'n rachadh esan car tamuill a chuir seachad na h-uine maille rithe. Cha bu ruith leis ach leum ann a bhi gabhail a chuiridh fhialaidh so. Cho luath 's a chlar an trath chaidh e air aghaidh gu tigh Iain Bhàin. Mar bu mhiann leis bha eudail na h-aonar. Dh' innis i dha nach robh suil aice ris an t-seana chàraid gu greis do'n oidhche oir bha iad 'sa' bhaile thall ma'n comhair ann an tigh caraid air baisteadh. Smath a chreid Uilleam nuair a chual e ainmean na cuidachd a fhuair cuireadh nach biodh fìor chabhag sgaoillidh air a' comunn; "oir" ars esan, "ged nach biodh a làthair ach Dughall Fada nall thar a' Chladich 's cinntach leamsa nach iarrar ceann a thigh'nn air a chruinneachadh gu madunn." Cha 'né gur h-e Dughall duine bu trioma bha san tigh oir bha neach araidh eile 'san sgrachd nach biodh baisteadh iomchidh na laghal gun e bhi ann, neach a bha sealbhachadh sgornan bu tartmhora na Dughall, ach aon gidheadh nach gabhadh neach sam bith air fein a radh gu robh e robh "dheighail air an drugaig," do bhrìgh agus gu robh iad uile creidsinn gur "furasd smal fhaicinn air còta dubh." Mu dheighinn so cha'n eil fhios againn ach o'n tha'r gnothuch ri Uilleam faodidh sinn a leantuinn. 'Nuair a fhuair e ri taic a luaidh aig taobh an teine dhichuimhnichidh e gu'n robh leithid Iain Bàin ann an tìr na'm beò idir. Mar a's minic a thachair do chàraid aig àm eile leig iad diubh bhi gabhail cùram mu thimchioll ni na neach ach iad fein. Cha suaicheantas còrr air cladach-cha ghalair aon duine e ach 's iomadh iad a dhearmad an aire thoirt nach guir cuibhle Tìm a chuir char dhi dh'audeòin gu dé cho tlachdmhor agus a bhios air càradh leinn. 'S e so a dh'fhàg an ceillich ud gun toirt fa-near cia mar a chuireadh e cobhl' eadar e agus Iain Bàin 'nuair thigheadh e dhachaidh. Ma dheireadh thall chualas farum air an starsnaich eadar dà uair dhiag is uair; bha 'n t-seann chàraid air tighinn! Ma bha, cha robh comas aig an fhear a bha stigh dol a mach gun a ghlacadh. Theagamh nach biodh fhios co e, ach bhiodh fhios gu robh e air choir-eigin ann, agus thigheadh sinn chum an aon rud. B'e so a sheachnadh, an aon chùram a bh' orra nis. Sud agad an duine agus a chuid sholasaibh-'s dòcha gur h-ann 'nuair a's ciataich a tha sinn a seoladh air cuan seimh an t-solais agus an dòchais a nochdas uilebheist neo-thiorail fo'r toiseach a chuireas crìoch sgiobalt air ar toilachadh air chor agus gur tric a dh'fhàgas i sinn a' caoineadh a' ghàire a bh'againn an uiridh. B' fhuair so air an oidhch' ud: am a fear a bha gu cridheil ri sùgradh is manran an caoimhneas blath na caileige roimh so feuch a nis e gu h-ùpraiteach, sgianshuileach, tuainealach, a sireadh àit' am falaich e fein air dha bhi do'n bheachd nach b'eagal bàs seach ruaig. Chomhairlich Ceit dha e fein a thilgeadh ann am broinn cléibh a bha thall an thaobh an tìghe gus am faigheadh a comas air ialladh a mach. Cha b'àm gu bhi eagnuidh a bh'ann agus gun fuireach ri sealltuinn aon uair gu de bha roimhe leum e do'n ionad fhasgaidh so a chuir a sealbh air. Gu tubaistach bha'n cliabh go thaosg le itean, ach le dichioll 's le dinneadh shiollaidh Uilleam sios gu ghrund agus bha e gu sochdrach. Thàinig Iain 's a bhean a stigh-bhiodh e na b'fhaisg air an fhirinn a radh gun thàinig a bhean agus Iain a stigh, oir bha ise 'g a threòrachadh agus ga chuidachadh san air dha fein a bhi rud-eigin mall 's a' choiseachd. Cha robh failigeadh san teang' aice 'nuair fhuair i Iain a leigadh 'na ghlag air cathair. Feadh na slighe chum i sàmhach air sgàth na nàire ach a nis fhuair i faochadh agus leig i

ruith le teangidh. Dh' innis i gu neo athach gur h-e liath-nàraich, 's a mhaslaich i; gu'm b'e truaighe do thè bhi ceangailte ri leithid agus iomadh ni eile nach 'eil e comasach do neach sam bith a radh ach do mhnaoi chrosda mhi-thollicthe 'nuair a bheir i strian dha teangidh. Dh' éisd am fear gu sochrach rithe car tiota, ach an sin le sùil sith'cheannach 's cothrom fhaotainn air dhol a ghabhail fois na h-oidhch,' air an robh e gu mór na fheum, thoisich e air brosgul ris a bhean. 'Nuair a bha chuis coltach ri gu'm biodh réite air a dheanamh eatorra chuir Uilleam e fein air a leithid a shuidheachadh, 's gu robh nis a ceann thairis air beul a chléibh. Mo thruaighe cha b'e cheann mhain, ach a cholluin mar an ceudna oir chuir an cliabh car dheth agus thilg e na bha na bhroinn air an urlar. Dh' éigh 'chailleach nach do lasaich Iain riamh gus an d'thug e Esan gu corporra le chuid itean gu'n cagailt! D'fhalbh i seachad ann an neul, d'fhalbh Ceit a toirt boinn uisg' a dh'fhuarichadh i; agus bha Iain cho fuar rithe fein ann am prioba na sùil. Le aon sinteag chaidh Uilleam thar bathais an ùrlair cho 'na starsnaich a crathadh dheth na'n itean mar fhianuis nach bu d'thig an dìlinn a chiteadh aghaidh a bhonn air an fhonn cheudna. Na'm biodh an cliabh na bu shochraicha, bhiodh an sgeula na b'fhaide!

Bha 'm bàrr fo dhion aig toiseach an ath gheamhraidh an déigh do Uilleam na h-itean a chur, 'n uair a thachair na nithaibh a bhuneas do 'n chaibideal so. Cha do chleachd bodaich Hastin riamh a bhi air deireadh ann an criochnachadh na h-oibreach agus cha mho bha eagal na caillich' orr air an fhoghar so. Do na h-uile duine moch-aireach ann am baile ainmeil airson moch-eiridh b'e Dòmh'ull Donn aig an robh urram a chinn-fheadhna. Bhiodh ceò á tigh Dhòmh'uill cho luath 's a ghairmeadh an coilleach agus uaith' a sin gu dubh cha robh fhios co bu trainge e fein na dhithis nighean-Mairi agus Iseabal. Air aon ni bha fios agus b'e so e: gur h-e chiad fhear a bhiodh ullamh do dh' obair an fhoghair ged nach robh chuideachadh aig ach na cailleagan. 'S ann a cheart lath' chriochnuich Domh'ull togail a bhuntata chaidh Uilleam suas troimh 'n duthaich an dùil geur amharc air a chladach air cùl Bhaile-Raonuill oir rinn Uilleam suas inntinn gu 'n cuireadh e gu siorruidh crìoch air a shiubhal le bean a ghabhail dha fein agus sin romh 'n Nollaig. Chuireadh e leis a so feum air sall gu gu tallan a thogail eadar a mhnaoi òg 's a mhàthair. (Na 'm b' fhior na theireadh na h-eòlaich cha chuireadh a mhàthair droch fheum air tallan a bhi eadar a teang agus a h-uile duine). Shaoileadh cuid gum bu mhaith a mhisneach dha 'n tigh a chuir air doigh gus am faigheadh e lorg air bean an toiseach ach 'se theireadh e gum b' fhuasda bean fhaotainn ach nach ann a h-uile latha bhiodh sall air cladach. 'Thuilleadh air a so uile nach b'e cleachdadh an aite 'n uair a bhiodh fear air son posadh 's gun aon air sgeul aige, dhol gu tigh àraidh an déigh àm cadal, an teaghlach a dhùsgadh, làmh thoirt air an t-searraig agus a gnothuch a chur an céill. Nach e sin a rinn Niall Og agus ged nach fhac a bhean riamh roimh e, le fiosrachadh, thug a h-athair dha i agus tochar maith leatha 'n uair a chual e 'ri suidheachadh math a bheir Niall. Cia mar leis a sin nach faodadh sùil a bhi aig Uilleam ri te, air dha bhi gu math na b' fherr aig an tigh na Niall! Mo thruaighe! sud an dòigh air an do chumadh suas margadh nan traill na 'r duthaich linntibh an deigh do 'n lagh shiobhalt crìoch dhlighach a chuir air:

d' fheumadh an nighean am fear bu lionmhoire daimh a thigeadh ga h-iarraidh a ghabhail; cha d' thugadh bodach dreangach tochar ach 'n uair a shaoileadh e gu 'n cuireadh e riadh cùig fillte dheth.

Ach leanamaid Uilleam. Suas an rathad bha e luibhrigadh seachad rùn a chridhe do Thormod a bha na dheadh fhear eisdeachd ged nach robh e ainmeil mar fhear labhairt. Thàinig tarruing aca air an mhnaoi òg mar gach ni. 'N uair chuala Tormod mar a bha chùis thug e comhairl' air a charaid fuirich re na h-oidhch' ud an Hastin agus gun tugadh esan e choimhead air nigheanan Dhòmh'uill Dhuinn, ann an dòchas gu 'n còrdadh tè aca ris. "Bha mis'," arsa Tormod, "an uiridh air mhuinntireas ann an Hastin, agus tha fhios agam le sealladh mo shùil nach b' urrainn boirionnach a bhi na b' fheunala na Mairi. Bha mi fein a suas ri Iseabal agus ni so lethsgheul gu leòr dhuinn." Chòrd a chomhairle so air leth ri Uilleam, agus dh' aontaich e fuireach an oidhche sin ann. Bha maoir-cladich gu suilbhir, aoidheil riu, nochd e caoimhneas

(Air a leantuinn air taobh 14.)

[TD 12]

[Vol. 6. No. 2. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 9 IULaidh, 1897.

MO CHARAID FEAR MHAC-TALLA,—Leugh mi anns am paipeir 'n trieamh latha an gibhlinn, cairdean dhiubh 'g iarraidh iomradh sam bith air Tormoid Mac Fhionghain a dh' fhag Loch Ainslie bho chinn tri fichead bliadhna a dol do Astralia; bha so mu 'n aon àm a dh' fhag a charaid Domhnull Mac Leoid, Ceap Breatunn. Chaochail esan bho chinn coig no

sia bhliadhnaichean. Dh'fheoraich mi bho Mr. Iain Mac Leoid a bhrathair mac as sinne tha beò de thealach an Urr. Tormoid Mac Leoid. Chual Iain Domhnull a bhrathair tric a bruidhinn air; thachair iad ri cheile am baile Adelaide. Bha e na dhuine choisinn ainm mor dha fein le treubhantas mor. Chaidh e astar fada air a chois gu meadhon na duthcha measg dhaoine fiadhaich troimh iomadh cunnart. Le coiseachd astar fada bha moran eolas aige air dùthchannan ura. Bha meas cho mor air 's gun deach ullachadh dheanamh air son cuirm thoirt da. Bha moran do luchd eoluis a tachairt ris, agus bha iad so toirt cuireadh dha dol a steach do 'n tigh-osda; gu tubaisteach chaidh e steach ro thrìc. Chruinnich luchd na cuirm ach bha iad dh' easuibh air MacFhionghain. Bha a charaid Domhnull Mac Leoid anns an àm so air fasdadh aig paipear naigheachd na aithrisear, bha e aig a chuirm air son an dol a mach 's na briathran aca uile aithris anns a phaipeir; rinn e sin gu snasail. Bha e ionnsuichte agus neo-chumanta gleusd air sgrìobhadh; le bhi cho eolach air Mac Fhionghain agus air an turus aige sgrìobh e (mu 's fìor) na briathran a labhair e aig a chuirm; thainig so comhla ris a chuid eile mach anns a phaipear ri da latha. 'Sann 'bha 'n t-iongantais mor air Mac Fhionghain nuair a leugh e na facail chaidh chuir na bheul, nach do labhair e riamh. Mur so dh' innis Mac Leoid ma dheidhinn. Sgrìobh mi gu luchd eolaich aig am faodadh bhi air, ach bha 'n uine goirid aca sin fios fhaotainn. Na 'm b' urrainn dhuibh ainm 'n aite 'san do bhasaich e, bithidh e na 's furasda fhaotainn a mach.

Feumaidh sibh a thuigsinn gu'n d'thainig moran do shluagh Gaelach do Otaga anns a bhliadhna 1860, a leantuinn luchd cladhach an oir á Astralia, 's docha gu faod e bhi na 'm measg. Mur cluinn mi facal tuilleadh mu dheidhinn an so, sgrìobhaidh mi gu luchd-eolais again an Duneideann, baile mor Otago. Tha mi deanamh sin le toil, agus durachd mhath dhuibh fein.

Bho ar caraid,
IAIN ROTHACH
Rudha Mharsdain, 9, 6, 1897.

Gaidheil Ghlascho.

(<eng>Highland News,<gai> Iun 19.)

Bha mach air ciad de luchd a' chomuinn seo aig Cuirm-chnuic ann am Baile-'chléirich Iar air Glaschu, air Di-sathurine seo 'chaidh. Dh-fhàg iad Ceànn-uidhe Sràid-na-Drochaid ann an carbad-smùide an cuig mionaidean gu dhà 'm fheasgar, a' ruigsinn àite na Cuirm mu thrì chairtealan na h-uaire as déigh sin. Fhuair iad ainmsir ghrinn, agus chuir iad seachad i gu subhach, sona ri cluich 'us mire a measg nan craobh, agus aig bòrd fleagha, sgaoilte air an raon, gun ghuth a' briseadh air an cluais ach ceòl na Pioba móire agus an còmhradh aca fhéin anns a' chànain dùthchasach. Bhà triuir Dhealbhairan 'n am measg le 'n gloinean-deilbh. Ghabh iad dealbh no dhà de 'n chuideachd iomlan, buidhean beag no dhà, agus na Sgiathanaich uile cuideachd leo fhéin.

Cha-'n-ann gu sanntach b' fheudar dhoibh an raon fhàgail mu leth uair an déigh ochd agus tilleadh dhachadh gu baile mòr na gleadharaich agus a' cheò, an déigh feasgar cho cridheil agus taitneach 's a b' urrainn iarraidh, ach ro ghoirid, chur seachad 'an cuideachais a chéile.

Tha Céilidh nan Gàidheal a' càll, car ùine fada co dhiù, Raonall Dòmhallach, an Iar Cheann-suidhe, ball cho ìntinneil, cho sgiobalta, cho sgoilteanta, agus cho dùrachdach agus a th' anns a' Chomunn. Thà e 'falbh air 26mh a' mhiosa seo gu Bràighean abhainn Siré, ann an <eng>Africa<gai> Meadhonach. Theid 'ionndrainn gu mòr anns na Comunnan Gàidhealach 'an Glaschu, far am bheil e ann am mòr spéis do bhrìgh a dhùthchais, a chomasan agus a dheadh-bheus. Leanaidh deadh dhùrachd Céilidh nan Gàidheal e an Sambéusi agus air Bràighean an Siré. Cha 'n 'eil teagamh nach cum a' mhothachadh a th' aige air staid a Dhùthcha féin air ais a làmh bho a bhì cruaidh air na gnèithean truagha a th' anns an tìre gus am bheil e 'dol.

Mar creideamaid ach na nithe sin a mhàin a ta sinn a' tuigsinn, bhiodh ar n-eòlas a thaobh gach cùise araon beag agus cuibhrichte; agus cha bhiodh e 'nar comas gnothuichean an t-saoghail a ghiulan air an aghaidh.

Is fearr gu mòr bàs an ionracain na beath an eucoraich.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann
an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaimeachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 13]

[Vol. 6. No. 2. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha dithis dhaoin' òga ann an <eng>Cowansville, Ont.,<gai> a

cleasachd ri chéile, agus le tuiteamais chuir fear dhiubh car an amhuich an fhir eile 'ga bristeadh, agus ag aobharrachadh a bhàis.

Tha iadsan a tha 'g obair air an rathad-iaruinn (I. C. R.) an deigh litir fhaotainn o'n fhear a tha os an cionn ag radh gu feum iad am fiachan a phàigheadh gu h-onarach ar-neo gu 'm bi iad air an cur as an obair.

Bha teachdaire aig Sultan Mhorocco ann an Lunnainn aig Iubili na ban-rìghinn. B' ainm dha Simo Hamed Ben Mousa, ach cha deach an greadhnachas a chunnaic e gle mhath dha, oir chaidh e air ais d' a dhùthaich fhéin as a rian.

Bha stoirm shneachda aca ann an stàit Virginia air an darra latha mu dheireadh dhe 'n mhios a dh' fhalbh. Bha an t-side fuar gu leor againn an Ceap Breatunn, ach sheachainn an sneachda sinn. Ann an Chicago, air a' cheart latha bha an teas cho mor 's gu 'n do dh' aobharaich e bàs shianar.

Tha uiread de smugladh a dol air adhart mu Amhuinn St. Lawrence 's gu bheil an Riaghladh ag iarraidh coig mìle dolair air son cur as da. Tha 'n t-airgead sin ri bhi air a chosg gu falachaidh, oir cha ghabh an gnothuch deanamh air luchd an smuglaidh gu follaiseach. Tha an Riaghladh a' call moran airgeid air an droch obair gach bliadhna, agus tha sluagh àireamh shiorrachdan an Chuibeic air an tur mhilleadh le misgeireachd.

Tha muinntir nan Stàitean ag radh gur ann acasan a tha dùthaich na saorsa, ach ma chreidear gach sgeul a tha 'dol mu 'n cuairt, tha seòrsa saorsainn aca nach bu mhiann leinn fhaicinn anns an dùthaich so. Ann an tigh-cùrtach an Arkansas, air an t-seachdain s'a chaidh, thainig ni-eigin eadar dithis fhear-lagha, agus thilg fear dhiubh am fear eile air a' bhad. Air a cheart latha, ann an stàit Missouri mharbh bàillidh baile am fear a bha 'san dreuchd roimhe, mar sin a cur crìoch air mi-chòrdadh eigin a bha eatorra. Tha sgeul eil' air innse mu mhnaoi a thug litir dhealaichidh d'a fear; bha an duine bochd mar sin air fhàgail gun dòigh air tigh'nn beò, agus chaidh e do thigh nam bochd. An deigh dha bhi anns an ionad sin còrr us da bhliadhna chaidh a bhean a choimhead air an la roimhe, agus air dhi truas a ghabhail dheth, thug i á thigh nam bochd e agus phòs i a rithist e.

Tha an Sultan an deigh striochdadh do thoil nan rioghachdan mora, agus bi'dh e riarichte leis na cumhachdan-sithe a thairgeas iad-san dha. Bha na cumhachan a bha e-fhéin ag iarraidh tur mi-reusanta, ach lean e riutha gus 'n do thionndaidh eadhon Ruisia na aghaidh, rioghachd a bha gabhail a phàirt cho math 'sa b' urrainn di. 'N am biodh an Sultan air a dhòigh fhéin fhaotainn cha bhiodh anns a' Ghreig ach dùthaich gle bheas agus shuarach m' am biodh esan ullamh dhi.

Bha dinnear mhor air a toirt le Mr. Chamberlain ann an Lunnainn Diciadin s'a chaidh. A bharrachd air moran de dh' uaislean Bhreatuinn fhéin, bha a dha dheug de phrìomhairean 'nan suidhe aig a bhòrd-

Morair Salisbury air an ceann, agus prìomhairean nan colonies uile timchioll air. 'Se so a cheud uair a thachair a leithid riamh, agus tha e nochdadh gu soilleir cho dlùth 'sa tha Breatunn agus a cuid cholonies a teannadh ri chèile.

Ciod e saibhreas? Is saibhreas gach ni a ta daoine 'solaireadh 'san t-saoghal so air son am beo-shlaint agus an toilinntinn fein. Is e saothair a bheir saibhreas gu buil. Tha gliocas a' cumail saibhreis 'na chrìochaibh fein, trid am bheil e cinnteach, agus a' dol ann am meud. Tha na daoine saibhir air an deanamh suas diubh-san a fhuair cuid o mhuintir eile-diubh-san air an do thuit e gun fhios gun aire dhoibh-agus, mar an ceudna, diubh-san a choisinn e le fallus an gruaidhe fein. Air an doigh cheudna tha na daoine bochda air an deanamh suas diubh-san a shealbhaich bochdainn o mhuintir eile-diubhsan air an d' thainig i gu 'n fhios gu 'n aire dhoibh-agus dhiubh san a thug le h-amaideachd orra fein i. Ginidh leisg agus diomhanas bochdainn. An uair nach saothairich duine, agus an uair nach coisinn e na h-uiread le dhichill fein gach la, cha 'n urrainn nach bi e bochd. Cha 'n eil leigheas ann air son na bochdainn a ta 's ruthadh o'n leisg, ach dichìoll agus saothair.

Bha an t-Urr Calum Caimbeul, minister Strath-Alba, air chuairt ann an Ceap Breatunn air an t-seachdain s'a chaidh agus air an t-seachdain so. Bhe e ann am Baddeck, agus air a Chladach a Tuath, ach cha do cheadaich ùine dha tighinn cho fada 'n ear ri Sidni. Dh' fhalbh e á Baddeck Di-ciaduin gu Port Hawkesbury, agus á sin sheòl e Dior-daoin. Tha Mr. Caimbeul a' toirt cuairt mar so do eilean a dhùthchais a h-uile samhradh a choimhead a chàirdean. Tha sinn toilichte chluinntinn gu bheil e slàn, fallain, agus gu ma fada mar sin e.

Ann an àit eile dhe 'n phaipear gheibhear guth o "Chona." Thòisich e air a' cheann labhairt "Elijah" air an t-samhradh 'sa chaidh, agus chaidh uiread 'sa sgrìobh e aig an àm a chlo-bhualadh 'sa MHAC-TALLA, ach leis na bha dh' obair aig an sgrìobhaiche chòir, b' fheudar dàil a chur anns a' chuid eile gus a so; bi'dh e air an turus so air a leantuinn o àireamh gu àireamh gus an cuirear crìoch air. Tha "Cona" 'na fhear-sgrìobhaidh o 'm bu mhath leinn cluinntinn na bu trice, agus tha sinn an dòchas an deigh dha crìoch a chur air Elijah, nach leig e uaithe 'm peann idir, ach gu 'm bi a shaothair a tarruinn aire luchd-leughaidh MHIC-TALLA gu bitheanta.

Tha Sir Micheil Hicks-Beach dhe 'n bharail gu 'm bu chòir do Chanada 's do na dùthchannan eile tha fo chrùn Bhreatuinn, cuideachadh a thoirt dhi ann an cumail suas an airm-mhara. Tha 'n t-arm-mara a dion Chanada agus Astralia cho math 'sa tha e dion Bhreatunn, ach cha 'n eil sin a cosg sgillinn do Chanada no dh' Astralia eadar da cheann na bliadhna. Cha 'n eil Sir Micheil leis fhéin 'na bharail, agus 'se 's dòcha nach teid moran bhliadhnaichean seachad gus am bi Canada, Astralia, New Zealand agus na mor-roinnean Breatunnach eile air fad a' pàigheadh suim reusanta gach bliadhna do 'n t-seann duthaich air son a bhi 'g an dion 's gan gleidheadh o gach namhaid a dh' fhaodas tigh'nn orra.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte. Sgrìobh gu

<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

CARADH

Uaireadairean

Glanadh,

\$0.50

<eng>Mainspring,<gai>

.60

An da chuid,

1.00

<eng>W. H. WATSON<gai>

Air an t seann Laraich.

<eng>Baddeck, C. B.<gai>

NUAIR THEID THU 'BHADDECK

taghail an stor

<eng>Albert I. Hart.<gai>

Tha Stor mor aige dhe na h uile seorsa bathair.

Bathar Tioram Bathar Cruaidh

Amhlan, Aodaichean, Caiseart,

Adan, Curraichean, agus iomadh ni eile.

An seorsa 's fhearr 's a' phris a's isle.

<eng>ALBERT I. HART.

Baddeck, Aug. 1, '90.<gai>

NIALL DOMHNULLACH,

CEANNAICHE.

Ti, Siucar, Amhlan, Milseanan, &c.

Leabhraichean Gailig dhe gach seorsa.

Mu choinneamh Tigh-Osda Dhunlap.

<eng>BADDECK, C. B.<gai>

Tha e na fhear-gnothuich do'n. MHAC-TALLA, agus faodar pris a
phaipear, agus ainmean luchd ghabhail thoirt dha.

CUIR A DH' IARRAIDH A MHAC-TALLA
\$1.00 SA BHLIADHNA.

[TD 14]

[Vol. 6. No. 2. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 11.)

dhaibh aig an tigh agus threoraich e timchioll a' chladaich iad a comharrachadh a mach an fhiodh' a réir a bheachdsan bu fhreagarrich air son an t-seors' oibreach a bha na h-aoidhean ag radh 'san robh iad a dol ga chur an sàs. Bha trom ghearan aig an t-seann duine chòir so nach robh faisg uidhir do mhuireagan a tighinn air cladach 's bha ri cheud chuimhnesan. Bhiodh a 'n uair sin ceithir 's a cùig do longaibh eirachdaila gabhail na tràghad a h-uile bliadhna, ach a nis le tigh-soluis air gach gob rudha, cha robh bhi beo aig daoine bochda aig nach robh sùil ri ni mar a d' thigeadh cnap maide air tir agus mar bu trice, 'n cnap sin fein na chriathar-tholl le reudan agus cuibhrichte le giurain. Mar d' thoireadh neach a nis a theachd-an-tir as an talamh cha ro 'n còrr dha air; ach ged a bha esan e fein na mhaor cha robh e faicinn nach robh làn onoir ann a bhi gabhail seilbh air gach ni thugeadh air a chladach, agus mar chomhar air a so cha d'thug e riamh suas ach an rud a bha ro' throm na gun fheum. Le leithidaibh so do chomhradh chaidh am feasgar seachad gu luath, gus ma dheireadh an robh 'n t-àm aig na seòid an aghaidh a chur air an cheann-uidhe. Cha robh iad fad a riughainn. 'N uair rainig iad an dorus fhuair iad e air a sparradh gu barrant' fa chomhair na h-oidhche. Gu de dheanadh iad? An dorus a bhualadh cha bhiodh e freagarrach gun fhios cho thigadh ga fhosgladh, agus pilleadh air falbh bha e ro thàmuilteach buileach. Gidheach cha d' thugadh iad dùil-thairis gus an cuartachadh iad an tigh gu h-iomlan. Nis bha Dòmh'ull an déigh a bhi cuir dhachidh a bhuntata aig an àm so agus ga thorradh suas anns an t-sean doigh sgiobailt ach neoeireachdail a bha 'n cleachdadh 'san linn sin. B'e sin so: bha balla mònadh air a thogail taobh shios an doruis gus nach leigadh e cead ruith leis a bhuntata feadh an tighe. Bha toll air a thoirt air oisinn an tubhaidh agus fàradh a treorachadh suas thige; 'n uair a dhireadh neach suas mar so bha e air comas dha gu socair an cliabh a dhòrtadh a stigh troimh 'n toll agus rùitheadh am buntat' air chùl na mònadh. Fhuair na fearaibh am fàradh so gun mhòr stri, agus cha bu luaith a fhuair na rinn iad suas an inntinn air son an ath cheum a ghabhadh iad. Gun fiu fuirach ri fhaicinn cia mar a thigadh iad a mach gu siorruidh a steach air an toll a lom iad, 'N uair nochd iad ris a' chagailt chunnaic iad sealladh a thog an cridhe. Bha 'n teaghlach aig an suipear agus mar so comas air leth aig Uilleam air sealladh maith fhaighinn do Mhàiri mar a bha i na suidhe ris an t-solus. B' e sin an solus! Bha e cho trath air a' bhliadhna 's nach robh ùilleadh air son a chruisgenn air tighinn air daoinaibh fathast agus mar sin bha iad riarachtaiche leis na b' urrain an caorran a thoirt seachad do shoills'. Air chor agus nach rachadh ni dheth sin

an taiseart bha fàd monadh fo iomall thall a chlàir a bha na laidh air an ùrlar agus an teaghlach mu chuairt dheth. Shlaod na gillean iad fein gu aghaidh an tòrr bhuntata an dòchas gu faighadh iad socair agus sealladh na b' fhearr. Ma shlaod; a bhochdainn bhochd! d' fhalbh an tòrr leò 's cha do lasaich iad riamh gus an d' fhuair iad iad fein an taice ris an teaghlach agus sin na bu tràithe na bu mhiann leo. Thuig fear-an-tighe 'chuis ma 's do labhair iad agus ged bha dorran air air son mar a sgaoil iad am buntata, thug e cuireadh cridheil dhaibh bho 'n thainig iad cho dlùth air gum b' fheàrr dhaibh compartachadh do 'n t-suipear. Air eagal a bhi air an ais 'san spòrs thubhairt Tormod gu robh e gle fhad' an comain an an duine choir a thug a leithid do fhiachadh fialaidh dhoibh ach. gur e ghluais iadsan o n tigh ni bu mho na aoidhachd oidhche; gur h-ann a bha Uilleam deònach reiteach ri Mairi. Chòrd so ri Màiri. Cha do mhi-thaitinn e ri fear-an-tighe agus cha robh comas cur na aghaidh aig a' choigreach, 's mar so chaidh an t-suipear agus an cordadh air aghart còmhla, agus geàrr na dhéigh sin bha bhanais. Ach nam biodh am balla mònach na bu sheasmhaiche biodh an sgeula na b' fhaide.

Litir o'n Chuairtear.

Faoighnich de ghille 'nuair a tha e fhathast beag gu leòr gu bhi pògadh a mhàthar, co 'n neach a's briagha th' air an t-saoghal, agus 'si 'mamaidh' a their e a h-uile h-uair, ged a dh' fhaodadh i bhi duaichnidh gu leòr. Ach thig atharrachadh mor air gillean anns an dòigh sin, agus chi sinn iad mar is trice a' faotainn mhàthraichean eile dhaibh féin, fo dhion lagh na dùthcha. Ach ged a shiubhlainn-sa uile dhuthchannan an t-saoghail, cha 'n eil mi 'creidsinn gu 'n atharraichinn mo bheachd gur e Ceap Breatunn an dùthaich a's àillidhe tha fo 'n ghréin, agus gur-a Loch Ainslie am bad a's àillidh tha 'n Ceap Breatunn.

'Nuair a bhios tu air tir 'sa chi thu an t-uisge gu còmhnard, dearrsach, a' ruith timchioll nan rudhachan agus suas na còbhaichean, gabhaidh tu tlachd ann a bhi 'g amharc air; agus 'nuair a bhios tu air an uisge, bheir na beanntan agus na glinn a tha ceithir-thimchioll ort 'nad chuimhne na th' air a radh mu shuidheachadh Ierusalem.

Agus tha 'n sluagh a thatar ag àrach mu 'n loch a h-uile buille cho math ris an àite. Chunnaic bàird, sgoilearan, agus daoine treuna, gaisgeil, tùs an làithean an so. Tha sagairt, ministearan, agus fir-lagha 'gan togail ann cho pailt ris a' bhuntata, agus tha na bàird nan planntan dùthchasach a tha fàs leotha fhéin. Mur bi do ghiulan anns an àite dìreach mar bu choir dha bhi, bi'dh aon leth-dusan aoir agus oran 'g ad leantuinn. Mo chreach! 's mise bha thall 'sa chunnaic! Aig na cluichean Gaidhealach bi'dh gillean Loch Ainslie daonnan a' cosnadh nan duaisean. Is ann an so a rugadh an gleachdair ainmeil, an Dotair Uisdean N. Domhnullach, a thomhais an an t-ùrlar le druim a' ghleachdair Eirionnach a chaidh troimh America gun a sheise 'choinneachadh ris gus 'n do dh' fheuch esan e ann a Halifax. Tha an Dotair 'na Ghàidheal gu 'chùl. Tha e nise air suidheachadh ann a Hogamah, 'ainm air gloinne os ceann dorus na h-oifis aige,

agus an giogan 's am fraoch, suaicheantais na h-Alba, mu 'n cuairt de 'n uinneig aige.

Air an t-seachdain s'a chaidh, chuir àireamh de dh' òigridh an taobh an iar cuairt air an loch anns a' "Mhinnchaha." Thachair dhomh fhin tigh'nn an rathad 'nuair a bha iad ullamh gu falbh, agus chaidh mi còmhla riutha. Faodaidh daoine bhi bruidhinn air greadhnachas latha na h-Iubili, air an liuthad <eng>band<gai> a bhios aca, agus air gach turus a bheir iad aig amannan eile air tir no troimh 'n athar, ach cha tig aon dhiubh suas ris an turus ud. Bi'dh daoine' deanamh bòsd a bhi dìreadh do na speuran ann am <eng>baloon,<gai> agus ma 's fhior dhaibh féin cuiridh iad am mèdìrean air na rionnagan, ach na 'n innseadh iad an fhirinn dh' fhaoidte gu robh leithid a dh' eagal orra 's gu 'n saoiladh gach aon diubh gu robh a' chridhe na 'bheul. Ach cha b'e sin sin dhuinn e air a' "Mhinnchaha;" cha robh eagal a cur cùram sam bith oirnn. Cha mho a bha dith ciùil oirnn, agus ceathrar ghillean gasda a toirt, fear m'a seach, cuairt air a phiob dhuinn. Cha 'n eil Gàidheal sam bith aig am bheil eòlas air eachdraidh a dhaoine nach cuir a' phiob-mhor ceòl na chridhe, agus 'nuair a thòisich na piobairean òga so air cluich shaolamaid gu 'n robh sinn a cluinntinn toirm nan iomadh cath anns an do choisinn ar sinnsir an cliù nach caill iad fhad 'sa mhaireas an saoghal. Co luath 'sa sguireadh a' phiob, bheireamaid uile "treis air cainnt nam bàrd anns a Ghàilig bu ghlan gearradh;" agus cha b'e sin toil-inntinn bu lugha. Ghabh sinn ar ti aig Amhuinn nam Breac, agus an sin chaidh sinn dhachaidh. Faodaidh mi radh le firinn nach robh mi riamh ann an comunn bu chridheile no bu stuama na bha cuideachd an lath' ud, agus b'e mo mhiann a bhi 'nam measg an ùine gun bhi fada rithist. Do charaid,
AN CUAIRTEAR.

Giumach, rionnach, agus ròn-tri seòid a' chuain.

Gùbhannach, gabhunnach, pileagach, peileagach, bratach, breugach.

Gnothach a ghille leisg 'san fhogharadh-theid e fada leis is bith' e fada ris.

Gu ma làn a bhios an lamh thoirteil

Seol maol-an-uachdair an t-slighe do n àiridh.

Is ann an deigh laimh 'bhios an Gaidheal glic.

Cha 'n eil coimheachas 'sa bhiadh mur 'eil e 's na daonaibh.

Cha 'n fhaeas a leithid bho 'n a rug an reithe 'n t-uan ann an Scalpaidh.

[TD 15]

[Vol. 6. No. 2. p. 7]

ELIAH.

Tha cheist a chuir Elisha ris an t-sluagh a bha cruinn air sliabh Chairmeil, freagarrach do dhaoine anns gach linn. Is treise gu tric le luchd-leanmhuinn Bhaail no le sluagh ceanalta, beusach an Tighearna. Ma dh' fhaoidte, gu bheil duil 'us fiughair aig gach neach a smuainticheas idir gu dichiollach mu 'n chuis, gu meal e fadheoidh sonas 'us slainte. Ged dh' fhaodas dochas laidir a bhi aig daoine gu ruig iad an caladh àit ann an seasgaireachd agus ann an samhchair, gidheadh thig e daibh a cheist chudthronach so 'rannsachadh gu mionaideach: co-dhiu a tha iad fathast eadar dha bharrail anns an iomchomhairle, mu thimchioll an doigh air an coisinn iad an sonas ris am bheil an duil 's am miann.

Ann an gnothuichean cumanta na beatha 'tha sinn a' caitheamh anns an t-saoghal so, tha gach neach fiosrach cia co eu-comasach 's a tha e do dhuine air bith ruigheachd air inbhe lurach no fhortanach ma bhitheas e iomchomhairleach, a' dol bho ni gu ni eile gun tamh. Cha 'n fhuiling nithean an t-saoghail so saothair luasganach aontaobhach de 'n t-seorsa so. Is e 'n naigheachd 's an sgeula simplidh a dh' innseas iadsan a thionail maoin 'us ainm 's a choisinn cliu 'us ughdarras anns an t-saoghal, gur ann le deadh-dhurachd, le oidheirp threibhdhireach, 'us le barrail sheasmhach threun a dh' imich iad bho cheum gu ceum anns an t-slighe 'threoraich iad gus an ionad onorach sin anns am bheil iad a nis a seasamh. Is maith a 's aithne do na daoine saothreach, dichiollach so, cia mar bhitheadh an cor 's an caramh nam bitheadh iad iomchomhairleach, a' buileachadh cuibhrinn de 'n uine 's de 'n treoir air aon ni is cuibhrinn eile de 'n aimsir phriseil air ni eile. Tha e soilleir nach lean gean 'us subhachas 'us soirbheachadh dichioll aontaobhach ann an nithean saoghalta. Agus am bheil neach air bith ann aig am bheil fios 'us cinnt air a so, 'creidsinn gur ann air atharrachadh doigh a tha 'chuis ann an nithean spioradail, anns an t-slighe nèamhuidh a tha fosgailte do gach neach leis an aill imeachd oirre. Tha na comharraidhean araon laidir us lionmhor, gu bheil daoine ag creidsinn an dochais gu faod iad seirbhis a dheanadh do thagraidhean mi-bheusach an cridheachan fein, gu faod iad an saoghal a ghradhachadh gu mor, agus an Tighearna a's Dia ann a leantuinn.

Ach is fhurasda thuigsinn nach 'eil e comasach gu bi cordadh dluth no daimh bhilath eadar saoghail truaillidh peacach-eadar iarrtuisean 'us abhaistean aig nach eil aithne air naomhachd, agus aig nach eil speis do cheartas no do ionracas, agus do aoradh an Dia ghlormhor a tha nis gloine radharc no gu seall e air olc. Air an aobhar so, ma 's miannach le neach air bith an saoghal a ghradhachadh agus anamiann na feola agus anamiann nan sùl agus uabhar na beatha shasuchadh gu lan, cha 'n urrainn e Dia 'ghlorachadh agus a ghradhachadh aig a cheart àm. Cha 'n eil eadar-dhealachadh a's motha eadar solus boillsgeach na greine ann an aird a' mheadhain la 'us an dorchadas tiugh a tha rioghachadh air gach fonn 'us raon 'us beann ann an uairean marbh na h-oidhche, no tha eadar seirbhis Bhaail, no gradh an t-saoghail agus gloir 'us aoradh an Dia a's Tighearna ann. Aidichidh daoine gu luath gur e Dia a's ceannard ann, 'us gur e

maith a's modha 's a's dleasanaiche. Tha mar fhiachaibh oirnn a reachdan ceart us coimhlionta ghleidheadh. Carson, mata, nach bitheadh esan dhuinn 'na ionmhas 'us 'na chuibhrionn? Carson nach bitheadh gradh 'us tagraidhean ar n-anama 'sireadh 'g a ionnsuidh-san a mhain agus le dealas fonnmhor dìleas? Nan crìochnaicheadh am bàs a tha feitheamh oirnn uile ar beatha gu h-iomlan, nam pilleadh ar n-anam agus ar cuirp gu neoni; nam bitheadh iad gu tùr air an caitheamh as, an uair a ruigeas sinn ceann ar turuis talmhaidh, an sin cha bhitheadh e cearr no amaideach no mi-dhleasannach dhuinn gach agh 'us sogh 'us beannachd a tha anns an t-saoghal a sholair agus a mhealltuinn. Cosmhuil ri ainmhidhean balbh na macharach no nach buin ard-thuigse no smuaintean air bith mu dheidhinn an t-saoghail a tha ri teachd, bhitheadh e ceart dhuinn a chuid a's fhèarr a b' urrainn duinn a dheanamh de gach solas us sonas us aighear saoghalta. Thugamaid fainear, gur ann air caochladh doigh us snuaidh a tha 'chuis do bhrìgh gu bheil sìorruidheachd bhuan a' sgaoileadh a mach air thoiseach oirnn, 'us gur e 'n Dia a chruthaich sinn 's a tha 'na Thighearna anns an talamh is Dia mar an ceudna anns an t-sìorruidheachd a dh' ionnsuidh am bheil sinn uile trial le ceum sgìpidh defireach, oir cha 'n fhaod sinn maille dheanamh.

CONA.

Fear 's a bhaile, is aire as, is fhèarr as na ann e.

Cha d' fhag thu lub an dunain riamh.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

K D C <eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia. -agus- <eng>127 State St, Boston, Mass.,<gai>

CUIR A DH' IARRAIDH A

MHAC-TALLA

\$1.00 SA BHLIADHNA.

D. A. Mac FHIONGHAIN,

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.

Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.

SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-òs cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear [?]agraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid and chuirtean Nova Scotia Quebec agus Newfoundland.
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

Gach seorsa bathar
-AIG-
<eng>McDonald Hanrahan & Co.,<gai>
SIDNI, C. B.
BATHAR MATH. PRISEAN ISEAL.

[TD 16]

[Vol. 6. No. 2. p. 8]

Oran air a' Bhan-Rìgh Bhictoria.

LE MAIRI NIC EALLAIR.

FONN:-Coire Cheathaich.

Cha 'n eil bàrd riamh a rinn dàn duinn,
Cruit no clàrsach a sheinn dhuinn ceòl,
Air bean ghràidh nach do luaidh le mànràn
Is e 'g a h-àrd-mholadh mar a b' eòl.
Mo chruit-sa gleusam a nis do theudan
A chum gu h-éibhneach thu dheanamh sgeòil
Mu mhnaoi àillidh a tha gu stàtail,
Air cathair àrduicht' os ceann gach feòil.

A shliochd nan leòmhann 'bha greadhnach lùchairteach
'S beag an t-ioghnadh ged tha thu còrr,
'S fuil nan Stiùbhartach rìoghail cùirteachail

'G éiridh lùthchleasach ann a' d' phòr;
Na feara calm' d' am bu dùthchas Alba
A dheanamh feara-ghnìomh 's a sgapadh òir.
Bha 'n dream ud ionmhuinn le luchd nan garbh chrìoch
'S bhiodh iad 'g an leanmhuinn le h-earbsa mhòir.

O 's i do mháthair 'thug dhuinn an oighreachd
A thog thu 'd' mhaighdinn gun mheang, gun bheud,
Gu soilleir boisgeil, mar rogha daoimein
A dheanamh soillse am measg nan ceud.
Am maitheas saoibhir, làn bàigh, is caoimhneis,
'S do rioghachd aoibhneach a luach a seud,
Gun uaille gun mhòrchuis, làn tùir is eòlais,
A rinn do chòmhradh mar cheòl nan teud.

'S mar thig an driùchd a nuas le ùrachadh
Air na flùrain 'bhios seargta fann,
Thug buaidh do chùirt-sa gu fìorghlan fiughanta
Fàs air subhailcibh a bha gann.
'S e sud, a bhan-rìgh, a chuir ar n-ùigh ort
Is cha b'e 'n crùn a bhi air do cheann.
Is se 'chuir cliù ort air feadh gach duthaich,
Mar oiteig chùbhraidh do thùis nam beann.

O 's mòr an gràdh 'thug thu dh' obair nàduir!
'S tha 'n aigheadh àrd ud ag iarraidh lòn,
Feadh gach àrd charraig, gleannan fàsachail,
Glac is càrn mullaich, màm is sròn,
B'e 'n seòmar uasal leat lagan uaigneach,
Le d' ghillibh uallach aig do thrà-nòin,
'S bu flùran suaicheant' leat raineach uaine
'S an roid 's an luachair 'bhios anns na lòn.

'S a' mhaduinn shamhraidh cha b' ann 'n a seòmar
A gheibhte a' bhan-tighearna 'tha mi 'seinn,
Is grian a' dòrtadh gu boisgeil bòidheach
A gathan òrbhui' air ceò a' ghlinn,
Ach 'gabhail sòlais 's an ùrachd ghlòrmhor
'S ag éisdeachd ceòlruidh nan eòinean binn'
Le ribheid shiùbhlaich a' cur na smùid dhiubh
Mu thimchioll lùchairt nam baideal grinn'.

O 's ioma bliadhna o'n bha thu caomh leinn,
A chionn mar thaobh thu ri tìr nam beann,
A chionn do mhiann bhi air frith is fraoch,
Is do dhachaidh aobhach bhi 'n cois nan glean,
Ceòl na pìob' bhi a' d' thalla rìoghail,
'S ar breacain rìomhach bhi air do chloinn,
Ach thug thu 'n dràsda gu tur fo chis sinn,
Is ghoid air crì'chan le sgrìob de d' pheann.

Is tha mac-talla ri iolach éibhneis
Air feadh nan sléibhtean 's nam beanntan cian'
Is clann nan Gàidheal mar dhaoine ìotmhor,

A gheibheadh fìor-uisge mar am miann.
'S do mholadh binn orra féin 's an tìr,
A bhi air a sgrìobhadh an cainnt nam Fiann,
Is bidh a' Ghàilig a nis am prìs,
Ged a theirte uimp' gu 'n do laidh a grian.

Co a dh' innseas duit meud an éibhneis,
A dhùisg an sgeul ud am measg an t-sluaigh?
'S cò a leughas duit meud ar spéis duit,
A mhàldag cheutach nan ioma buadh?
Is ma thig námhaid ort nall thar sàile
Bheir mic nan Gàidheal dha blàr 'bhios cruaidh,
Ged 's gann an àireamh, is caoraich bhàna,
'S gach gleannan àrd anns am b' àbhaist tuath.

Bu tu bhana-charaid, bu tu mhàthair,
Bu tu banrigh'nn nam flaithean treun'
Gheibh aireich tròcair, is truaghain deòir uait,
Is iochd gheibh fògraich nan dùthchan céin',
Bu tu bhean chàirdeil do 'n fhiùran àluinn
A chuir le 'ghràdh air do làithibh seun,
An leug a's luachmhoir' 'bha 'd' chorán rìoghail,
'S chuir Rìgh nan Rìgh i 'n a chorán féin.

A ròis a's àillidh, a mhiann na Gàidheal
Nis guidheam làithean duit a bhios buan,
An sìth 's an sòlas, le beannachd shònruicht'
Le buaidh is glòir air tìr mòr is cuan;
'S mar chuir thu deadh-shìol a' d' thìr 's a' d' theaghlach
A bhan-rìgh ghreadhnach thu dheanamh buain,
'S ged dh' fheudas pàirt bhi gun bhuaibh an dràs dheth,
Bidh saibhlean làn' agad air là luain.

'S 'nuair 'thig gu d' iarraidh an teachdair dìomhair
'S is éiginn triall o gach onoir mhòir,
Guidheam Crìosd a bhi 'cumail dìon' ort
Fo sgàil a sgiath' o 'n is e 'bheir fòir;
'S mar théid a' ghrian gu làn deàrrsa sìos
Fo chùirtein sgiamhach nam badan òir,
Biodh do thriall-sa an sgéimh na diadhachd
Gu coran siorruidh an rìoghachd na glòir!

Laoidh.

Ard Bhuachaille an tréud,
'Tha ghnàth ga 'n dìon o bhéud,
Ri taobh nan uisge tlàth,
Stiùir thusa mi gu caomh
Gu imeachd aig do thaobh,
Mar uan gun lochd, gach là.

Tha eagal orm bhith reùbt'
Le droighionn guineach, géur,

'N uair dh' fhàgas mi thu fhéin;
Ciùrrar mo chasan sgìth,
Oir 's deacair, garbh, an t-slìgh'
'Tha falbh o'n rathad réidh.

Ach 'n uair tha 'n t-slighe buan,
Togaidh do làmhan suas
An t-ànrach bochd gu tlàth;
Glanaidh tu uam gach smal,
Ga m' thoirt gu cluainibh glas'
'S am bi gach lus fo bhlàth.

Gus-saor o thruailleachd bhréun,
'S mi buileach glan gu léir,
Troimh d' fhuil-sa, Shlàn'gheir ghràidh-
An toir thu d' uan beag, caomh,
Gu dachaidh shona, naomh,
Ad thrò an Tìr an Aigh.

Is e 'n taillear a ni 'n duine.
Is e do chliù do chiad iomradh.
Is e leigheas a' chnatain cnapan itheadh.
Is ann air an alt sin a bha treise na drama.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 17]

[Vol. 6. No. 3. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 16 IULaidH, 1897. No. 3.

Mu Chalum-Cille.

Rugadh an duine ainmeil so ann an Eirinn: thàinig e o theaghlach
rìoghail na dùthcha sin; agus bha e mar an ceudna 'an dlùth-dhàimh
do rìghribh na h-Alba. B'e 'athair Felim mac-Fhearghuis; a's b' odha
e do Niall uaibhreach, rìgh mòr na h-Eirionn. Rugadh e anns a'
bhliadhna 521. A nuas o 'òige thaisbean e urrad tùir agus toirt-
fainear, urrad do dhiadhachd agus do thuigse cheart, 's gu 'n do
chuireadh air leth e o àm a leanabais airson searmonachadh an t-
soisgeil; agus ghnàthaicheadh na h-uile mheadhona chum fòghlum
iomchuidh a thoirt dà, freagarrach airson na h-oifig chudthromaich
sin. Bha e air a chàramh fo na daoineibh a b' fhòghluimte r'a linn:
thug e bàrr gu luath air gach aon a bha maille ris; agus bha 'chliù
gu moch a mach air feadh na tìre. Bha e greis fo chùram an naoimh
ainmeil sin, Ciaran; esan a thàinig 'na dhéigh sin a nall do Albuinn
a shearmonachadh Chrìosd. Ann an Ceann-tìre Earraghail, shearmonaich
an duine math sin; agus tha loch agus sgìreachd Chille-Cìarain san
dùthaich sin air an ainmeachadh air. Mun robh Calum-Cille ochd-
bliadhna-fichead a dh' aois, shuidhich e eaglaisean 'an Eirinn; 'na
dhéigh sin chaidh e thairis gu tìr-mòr na h-Eòrpa. Bha e ainmeil san
Eadailt agus san Fhraing airson 'fhòghlum agus a bheusan. Dh' fheuch
rìghre na Frainge r'a chumail aca féin; agus, anns an dòchas sin,
rinn iad geallaidhne mòra dha; ach thubhairt esan riu, "B' fhearr
leam gu mòr a bhi feumail ri m' linn na bhi saoi bhir; air sgàth
Chrìosd, agus airson mo ghràidh dha, dhealaich mi ri m' bheartas
féin, 's cha bu shuarach i, 's cha dùgh dhomh nis gu'n sanntaichinn
beartas dhaoine eile."

Cha'n 'eil fios cinnteach c'uin a phill e air ais do Eirinn. Bha 'n t-eilean san àm sin a' sealbhachadh solus an t-soisgeil ann an tomhas àrd; bha e làn do dhaoineibh diadhaidh am feadh a bha Albainn 'na fàsach fiadhaich, ann an aineolas, agus fo shaobh-chràbhadh mu'ladach. Mhothaich an naomh Calum dha so le truas, agus ge nach robh fàth a dhòchais ro-mhòr, chuir e roimhe dol a mach mar abstol do na cearnaibh dorcha sin. Leis a' bheachd sin, dh' fhàg e a dhùthaich anns a' bhliadhna 563; agus ann an curach beag, le dhà-dheug do luchd-leanmhuinn thaghta ghràdhaich, ràinig e 'n t-eilean uaigneach sin cùlthaobh Mhuile, ris an abair iad o'n àm sin I CHALUM-CHILLE. Bha 'n duine math mu' m bheil sinn a' labhairt a nis dà bhliadhn' agus dà fhichead a dh' aois, Bu chudthromach an obair a ghabh e os làimh, agus b' uamhasach na grabaidh a bha 'na rathad. Cha 'n ann gu dearbh gun anabharra neirt inntinn agus cuirp a thigeadh dha an oidheirp idir a thabhairt. Bha muinntir na h-Alba san àm sin ann an staid choimheach, bhorb; bha iad co suarach mu naomhachd an duine bheannuichte, 's gur tric a shònraich iad a chur gu bàs. Bha rìgh na dùthcha cosmhuil r'a chuid daoine. A' cheud uair a thàinig Calum-Cille dh' ionnsuidh a lùchuir, a bha san àm sin aig ceann na h-aird-an-ear do Loch-Nis, dh' àithn e 'n dorus a dhruideadh 'na eudann, gun an aoidheachd choitichionn a thoirt da féin no dhoibhsan a bha maille ris. Bha na sagartan Druidhneach aghartach soithreach ann an cur 'na aghaidh; bha iad teòma, seólta, ìnnleachdach, agus cumhachdach; agus bha uachdarain na dùthcha air an taobh Bha 'n dùthaich féin san àm sin mar aon fhàsach mòr, gun slighe no rathad tèaruinte tre na coilltibh tiugha dorcha; agus bha na monaidhean farsuing làn do bheathaichibh fiadhaich a bha 'n cunnart, iomad agus iomad uair, an naomh so a mhilleadh agus a sgrios, 'nuair a bha e 'g imeachd o chearna gu cearna ann an obair a Thighearna. A thuilleadh air so, bha e féin 'na ghiùlan agus 'na chleachdadh co fada dealaichte o mhuinntir na dùthcha, 's nach feudadh e gun bhi mi-thaitneach leo. B' àbhaist da trasgadh fad làithean, a bhi 'na chaithris ri ùrnuigh fad oidhchean. Bha e air a cheusadh do'n t-saoghal, agus bu shuarach leis toileachas-inntinn na beatha. Chuir e cùl ris na nithibh sin, a tha daoine eile a' meas neo-chiontach agus feumail. 'Nuair bha e sèa-bliadhn'-deug agus trì fichead, b'e 'n t-ùrlar fuar a bu leaba dha, 's a' chlach chruaidh bu cheann-adhairt dha. Ach a dh' aindeoin so uile, bhudhaich e 'na shaothair, agus sin ann an tomhas mìorbhuileach. Fad cheithir-bliadhn'-deug-thar-fhichead, shaoithrich e, a' socrachadh eaglaisean, agus craobh-sgaoileadh eolas Chrìosd. R'a linn féin chunnaic e 'n creidimh Druidhneach air a chur fodha, agus roighachd na h-Alba air a h-iompachadh gu aidmheil an t-soisgeil. Bha eaglaisean air an socrachadh ann an iomad cearna, agus tharta air fad, eadar Albainn agus Eirinn, bha e féin 'na uachdaran.

Tha daoine fòghluimte ag innseadh dhuinn gu'n do shocraich e, 'na latha féin, trì cheud eaglais, agus gu'n do stéighich e ceud tigh-manaich; agus ann an eachdraidh na h-Eirionn tha e air 'innseadh dhuinn nach robh aon duine riamh a rinn ua h-urrad do chraobh-sgaoileadh an t-soisgeil ann an Eirinn ris, ach Gille-Padruig, àrd-naomh na dùthcha sin. Bha meas mòr air anns gach àit an deachaidh e, fad as, agus dlùth do làimh; 'nuair a dh' fhàgadh e 'eilean féin, 's

a rachadh e mach air feadh na tìre, chruinnicheadh sluagh na dùthcha 'na dhéigh, a dh' iarraidh a bheannachd, 's a dh' eisdeachd r'a theagasg. Ma 's e eadhon an t-àit an robh chòmhnuidh, bha e air a mheas naomh; agus b'e iarrtas deireannach, agus miann rìghrean fad linntean, a bhi air an adhlacadh ann, agus codal a' bhàis a ghabhail ann an ùir an eilein shona sin. Gu cinnteach bha e 'na lòchran mòr 'na latha féin; bha beannachd Dhé air mhodh ro-àraidh an cois a shaoithreach.

(Ri leantuinn.)

Bha I-Chalum-Chille a tarruinn aire muinntir na h-Alba gu mor air an t-samhradh so. B'e 'n naodhamh latha dhe 'n mhios a dh' fhalbh co-ainm latha bais Chalum-Chille; tha tri cheud deug bliadhna air a dhol seachad o'n chaochail an duine naomh, ach tha 'ainm cho cùbhraidh an diugh 'sa bha e riamh, agus chaidh urram a chur air ainm mar bu chòir. 'S i Eaglais na h-Alba a ghluais an toiseach. Chaidh àireamh mhor de mhinistearan 's de shluagh dh' ionnsuidh an eilean agus bha da shearmon-Gàilig an toiseach, agus an sin Beurla-aca anns an t-seann Eaglais. Beagan lathaichean an deigh sin rinn an Eaglais Chaitliceach an ni ceudna. Chaidh easbuig agus àireamh shagart do 'n eilean, agus bha seirbheis aca anns an eaglais cheudna. Bha coithional mor sluaigh ann, agus an deigh na h-aifhrinn thugadh searmon Gàilig seachad. Fhuair a' Ghàilig mar so an t-urram bu dligheach dhi aig an da sheirbheis. Cha deachaidh linn seachad o'n chaochail Calum-Cille nach robh daoine' ann a deanamh fàisneachd gu 'm biodh a' Ghàilig marbh an ùine gle ghoirid, ach an diugh, an deigh tri cheud deug bliadhna dhol seachad, tha i cho beò 'sa bha i riamh, agus tha i air a searmonachadh air an t-seann làraich anns 'n do thog Calum-Cille fhéin a ghuth gu sgairteil innte o shean. Gheibhear cunntas aithghearr air eachdraidh-beatha Chalum-Chille anns an àireamh so.

[TD 18]

[Vol. 6. No. 3. p. 2]

NA H-AOIREAN.

'S e aoir, tha mi meas, an aon fhocal Gaidhlig, de na tha cumanta 'n ar measg an traths', is dluithe ann am brìgh do'n fhocal bheurla <eng>Satire.<gai> Ann an litreachas nan gall tha am focal <eng>Satire<gai> air uisneachadh ann an seadh na's farsuinge na tha aoir ann an litreachas nan Gaidheal. Ach tha mi de'n bharaill gu'm faighear am feart a tha 'm focal beurla a' ciallachadh 'n ar measg-ne ged nach abrar aoir an comhnuidh ris. Is e am feart no a' bhuidh so a bu mhiann leam a bhi feuchainn ri shoillearachadh air an àm. Na'm biodh focal a bu fhreagarraiche na aoir agam dlu air laimh ghabhainn e mar shuaicheantas no mar cheanteagaisg, a chionn tha fios again gu bheil droch fhaileadh de'n fhocal. Ach cha'n aithne dhomh aon is freagarraiche, agus feumar a bhi deanamh na cuid is fearr de'n chuid is measa.

'S e crìoch bardachd a bhi beathachadh na h-inntinn, an spioraid, a' chridhe. Tha iarrtuis ann an nadur an duine a ni bardachd a shasuchadh mar nach dean ni eile. Tha 'n t-anam neo-bhasmhor a' faireachduin gu bheil e lag, truailidh; nach eil a chobhair ann fein; agus as eugmhais maitheanais 'us cuideachaidh bho Chruith-fhear gu'n teid e gu brath a dhìth. O'n fhaireachduin so tha na laoidhean ag eirigh:

"Air t-uile throcair, O mo Dhia,
Tra dhearcas mi gu diù,
A' mosgladh suas tha m'anam blà,
Le h-ioghnadh, gradh, 'us cliù."

Tha ar cairdean, luchd ar gaoil, air an gearradh air falbh o ar taobh. Tha an cridhe a tha an impis cur thairis le gaol agus le bròn a faotainn ni-eigin de fhaochadh le bhi taomadh a mach cuid de fhaireachduin ann am marbhrann.

A' bheil iarrtus no faireachduin ann an inntinn an duine a tha an aoir a' sasuchadh, agus ma tha co iad? Feudar a bhi cinnteach gu bheil; mur bitheadh, cha bhiodh an aoir ann. Tha mi a' deanamh dheth gu bheil e nadurra do'n duine a bhi cronuchadh cionta agus a bhi fanoid air faoineis. Ma ghabhas am bard os laimh so a dheanamh, 's e aoir a heir sinn r'a shaothair. Ach co thusa no mise a tha gabhail oirnn fein a bhi toirt breith air ar coimhearsnaich, agus a bhi 'g innseadh ar barail do'n t-saoghal? Co thug ughdarras dhuinne a bhi siubhal sìos agus suas, a null agus a nall, air feadh an t-saoghail agus am measg ar luchd-eolais, a bhi cumail suil 'us cluas fhosgailte airson gach ni a chi no chluinneas sinn, agus a bhi rnith leis gach ni nach cord ruinn ann an giulan no ann an caithebeatha ar coimhearsnaich gu leabhar no paipeir-naigheachd? Ciod e do ghnothuch-sa ris an doigh air an gluais mise mi fein, cho fada agus nach 'eil mi a' deanamh coire ortsa? Co a chuir thusa ann ad bhreitheamh thairis orm-sa? Nach 'eil do rathad fein agad-sa, agus mo rathad fein agam-sa? Nach 'eil Eaglaisean againn agus luchd-dreuchd air an orduchadh annta le ughdarras a chum a bhi cronuchadh peacaidh agus pheacach? Nach 'eil luchd-riaghlaidh againn "a chuireadh a chum dioghaltais air luchd-dheanamh an uilc, ach a chum cliu dhoibh-san a ni maith?" Nach 'eil breitheamhnan againn air am mionnachadh gu ceartas a dheanamh eadar duine agus duine, agus nach 'eil cumhachd na rioghachd air an cùl a chum peanas dligheach a dheanamh air luchd-brisidh an lagha? Nach 'eil maighstirean-sgoile againn a chum an ni a tha ceart agus ceutach a theagasg do'n oigridh? Nach 'eil mar so o'd' breith gu d'bhàs daoine agad a tha air an iunnsachadh 'n an dreuchd agus a tha air an cur air leth agus air am paigheadh air son a' ghnothuich, a dh'ionnsuidh am feud thu dol a dh'fhoghlum do dhleasdanas do d'cho-chreutair agus do d' Chruithfhear, agus a dh'ionnsuidh am feud thu do choimhearsnach a thoirt airson peanas ma tha cuis-dhitidh agad 'n a aghaidh? Ma tha cuis agad a'm' aghaidh-sa, nach toir thu air beulthaobh breitheamh mi, far am bi comas agam air do choinneachadh, agus far an teid dà thaobh na sgeoil innseadh? Agus mur 'eil cuis agad a sheasas, feoraicheam a rìs ciod e do ghnothuch no co thug ughdarras dhuit dol

a thoirt breith orm-sa agus dol a chur do breith fa chomhair an t-saoghail a chum agus gun luidh corruich no tamailt an t-saoghail orm-sa?

Tha e farasda gu leoir ceist a chur; ach cha 'n 'eil e mar is trice cho farasda a fuasgladh. Thuirt duine cho ainmeil agus a tha beò an diugh 'n ar rioghachd, Mr. Gladstone, o chionn beagan bhliadhnachan gu'm b'e aon de chomharran ar latha-ne gu bheil sinn na's fearr air ceistean a chur na tha sinn air am fuasgladh. Cha 'n 'eil teagamh agam nach 'eil so fìor; agus tha mi meas nam faigheadh na ceistean a chuir mi fuasgladh dligheach, gu'm biodh beachd car soilleir againn air c'uin a bu choir agus c'uin nach bu choir dhuinn, cha 'n e breith a thoirt air gluasad ar luchd-eolais, cha'n urrainn dhuinn gun so a dheanamh, ach ar breith a sgaoileadh air feadh an t-saoghail ann an rann no ann an sgeul. Tha mi de'n bheachd gur e cron ar latha-ne, ann an tomhas mor, gu bheil sinn ro dheas gu bhi 'cur ar barail mu ghluasad agus mu dhoighean agus mu bharailean a cheile fa chomhair an t-saoghail. Creididh mi nach urrainn an neach is farsuinge inntinn am feum a rinn paipeirean-naigheachd do'n t-saoghal a mheas mar bu choir. Cha tig sinn as an eugmhais gu brath tuilleadh; agus tha e iongantach leinn ciamar a thainig daoine beo as an eugmhais cho fada. Ach cha'n 'eil eadhon na paipeirean-naigheachd saor o mhearachd. Gheibhear anntasan mar anns an t-seillein "an taice cheile 'mhill 's an gath." Gheibhear annta a' mhill ann an tomhas moran na's pailte na' m puinnsean. Ach cha n' 'eil mi ro chinnteach nach ann an lughad a tha mhill a' dol agus nach ann am meud a tha 'm puinnsean a' dol. A dh'aon ni tha mi meas gu'm faighear anns a' phaipeir-naigheachd 'n ar latha-ne na's lugha de naigheachdan agus na's mo de bharailean na bhiodh freagarrach. Tha am páipeir-naigheachd a nis a' gabhail os laimh teagasg cho maith ri foghlum a thoirt seachad. Tha e stri ri d' thoil a lubadh cho maith ri d' cheann a lionadh. Cha 'n fhoghainn leis an Deasaiche naigheachdan a thoirt dhuit, ach a bharaile fein air na naigheachdan. Tha so buil ùr, ann an tomhas mòr, gus a' bheil am paipeir-naigheachd air a chur. 'S e am paipeir-naigheachd mar so is fear-teagaisg do'n mhor chuid dheth 'n t-sluagh. Tha moran de na daoine is foghlumte agus is gleusta anns an rioghachd a nis a' sgriobhadh anns na paipeirean-naigheachd; ach, ged tha, cha 'n 'eil na paipeirean ro fhreagarrach airson teagaisg. Tha na naigheachdan a dh'ith oirnn fhaotainn cho luath agus a chluinnear iad; ach cha bhi a' bharaile a theid a thoirt seachad leis an comhnuidh fallain. A ris tha gach paipeir-naigheachd a tha againn a seasamh air taobh buidheann no beachd no aidmheil shonruichte, agus cha 'n fhaigh teagasg nach 'eil ann an co-chordadh ri beachd no aidmheil a' phaipeir-naigheachd a cheannach no fhaicinn. 'S e so a cheart chuid de'n t-sluagh is mo a tha ann am feum air teagasg fallain; ach ann an aon phaipeir-naigheachd cha'n fhaic iad ach aon taobh de na ceistean cudthromach a tha gluasad inntinnean dhaoine 'n ar latha-ne, agus mar so chan 'eil e cho comasach dhoibh barail chothromach a bhi aca mu thimchioll nan cuisean sin.

Ach cha'n ann a mhain ann a bhi toirt seachad teagaisg aon-taobhach no mi-fhallain a tha mi saolsinn a tha ar paipeirean-naigheachd a' dol cli. Gheibhear annta gu minic naigheachdan nach bu choir a bhi

annta. Tha, 'n lath-ane co-dhiu, sonas agus comhfhurtachd gach duine ann an tomhas mòr an crochadh ri gluasad 'us giulan dhaoine eile. Cha 'n 'eil duine a tha 'g iarraidh no gabhail os laimh a bhi seasamh an aite buidheann de'n t-sluagh a chum an coir a dhion no am beachdan a chur an ceill nach feum cunntas a thoirt air a stiubhardachd. Cha 'n 'eil neach a ghabhas os laimh dol a theagasg a cho-chreutairean le theangaidh no le pheann nach feum fulang d'a cho chreutairean a bhi toirt breith air a theagasg. Cha 'n 'eil neach ann an cumhachd no ann an ughdarras 'n ar measg nach 'eil cunntasach do'n t-sluagh, a reir creidimh ar latha-ne, airson a' bhuil gus a' bheil e 'cur a' chumhachd no 'n ughdarras a bhuineas dha. Aig an neach is diblidh 'n ar measg tha dleasdanas araid r'an coimhlionadh d'a choimhearsnaich, agus tha e freagarrach air gach doigh gu'm biodh cuid-eigin ann a chuireas a dhleasdanas 'n a chuimhne ma 's e agus gu'm bi e 'g an dearmad. Feudar a radh gu bheil beatha gach neach againn dà fhille. Buinidh an dara dual d'ar co-chreutairean, agus an dual eile dhuinn fein. Airson ar giulain air an dara laimh tha cunntas againn ri thoirt seachad do'n t-saoghal. Airson ar giulain air an laimh eile tha cunntas againn ri thoirt

[TD 19]

[Vol. 6. No. 3. p. 3]

seachad, anns an t-saoghal so, da'r coguis fein a mhain. Feudaidh e bhi gu'm biodh e freagarrach gu'm biodh an earann d'ar giulan a bhuineas do'n t-saoghal na bu mhò, agus an earann a bhuineas duinn fein na bu lugha na tha cleachdta 'n ar measg an traths ged tha mi fein de atharrach barail. Ach tha agus bithidh e ceart agus freagarrach air gach cor gu'm bi moran do d' ghiulan agus do d'ghluasad agus gu sonruichte a' chuid is airde agus is soluimte de d'bheatha foluichte o shuilean an t-saoghail agus cunntasach do d'choguis fein a mhain. Is ann le stri chruaidh, bhuan, agus fhuilteach a bhuannaichd ar n-aithrichean an t-saorsa a dh'fhag iad mar dhileab againne. Cha 'n urrainn dhuinn a bhi taingeil gu leoir d'ar sinnsearachd airson na saorsa a tha sinn a mealtuinn agus cha 'n urrainn sinn a bhi eudmhor gu leoir airson an t-sochair mhor so a ghleidheadh 'na h-uile lanachd d'ar cloinn. Agus feumaidh sinn an aire thoirt an uair a thilgeas sinn ain-tighearnas 'us foirneart de aon seorsa nach fuiling sinn do ghné fhoirneart sam bith eile an t-aite falamh a lionadh. Is tric a dh'fhas an gille 'n a mhaighstir; agus is tric a rinn deagh sheirbhiseach droch mhaighstir. Dh'iarr agus fhuair na seana Bhreatunnaich cobhair o na Sasunnaich airson iad fein a dhion o thulgaidhean garbha nan seann Albannach; ach cha luaithe a fhuair na Sasunnaich an cas air Sasunn na dhearbh iad nach tilleadh iad mar a thainig iad. Ann an uine ghoirid bha chuid a b'fhearr de'n fhearann 'n an lamhan Is e bosd uibhreach a' Bhreatunnaich gur e thigh a chaisteal; agus nach faigh an righ fein a stigh gun chead fir an tighe. Ach nach 'eil ni-eigin de chumhnart 'nr a latha-ne ged tha an toil agus an comas againn an righ a dhruideadh a mach as ar tigh, gu bheil sinn tuillidh 'us toileach agus gu bheil sinn gach latha a' fas na's eu-comas-aiche air an "t-saoghal" a chumail a mach? Is feairrde gach aon againn gu'm biodh

barail an t-sluaigh a bha agus a tha agus a bhitheas, ann an tomhas, 'na "lòchran d'ar cois agus 'na sholus d'ar ceum." Ach cha 'n ionann so agus a' chleachduin a tha fas gach latha na's cumanta 'nar measg, a bhi toirt cead 'us còir do gach aon a shaoileas gu'n do rugadh esan airson an t-saoghail a chur ceart, a bhi 'g innseadh ann am paipeir-naigheachd do na ceudan nach cuala riamh iomradh air t-ainm-sa no air m-ainm-sa a bharaill air a ghnè dhaoine tha annainne, an doigh air am maith leinne ar croith a ghiullachd, ar teaghlach oileanachadh, no eadhon ar cuirp a chomhdach. Nach searbh an gnothuch e ma chaidh againn air cumhachd a' chrùin a lughdachadh air chor agus nach urrainn an rìgh dragh a chur oirnn ach le ughdarras lagha ris an do chuir sinn fein ar n-aonta cho maith ris-san, ma chaidh againn air cuing nan uchdaran a bhriseadh air chor agus nach faod iad buntainn ruinn fein no r'ar' cuid ach air bonn a' chordaidh a rinn sinn ri cheile, gur eigin duinn fulang do gharrach 's am bith d'an urrainn litir a sgrìobhadh sinn fein agus ar doighean agus ar cleachduinean a chur am beul an t-sluaigh? Tha e farasda gu leoir dhuit a bhi ann ad earalas air a' mhaor. Thig e gu follaiseach; innsidh e 'ghnothuch,; agus tha bharantas 'n a laimh. Ach cha 'n 'eil dol as air fear a' phaipeir-naigheachd. Ma theid thu mu chùl do ghnòthuich agus gu'm fag thu do dhorus fosgailte; bithidh cunntas air gach ni a tha fo chromadh do thighe ann am paipeir-naigheachd mu'n tig ceann dà latha, gu sonruichte gach ni a shaoileas an sgrìobhaiche chuireas campar ort-sa agus a shasuicheas blas fiar a luchd-leughaidh, Ma ghlaiseas tu do dhorus tha 'chluas ri toll na h iuchrach, tha 'shron leudaichte ris an uinneig. Theid gach ni a chi no chluinneas e agus dà ni nach faic agus nach cluinn gus a' phaipeir-naigheachd. Ma theid thu le fear-turuis ceum de'n rathad no ma bheir thu le caoimheas cuid na h-oidhche dh'a agus an t-aiseag an la'r-na-mhaireach, is e is docha gu'm bi na ceudan a 'gaireachdaich mhagaidh ort, air t-ainm agus air do shloinneadh, mu'n tig ceann seachduin. Ma's duine thu leis an toil a bhi tighinn beò, ann am measg sluaigh a tha ruith an deigh gach ni ùr 'us fasanta, mar bha t-athair agus do sheanair romhad, leis an teine air meadhon an urlair, agus an crodh ann an ceann eile an tighe, cuiridh peasan air chor-eigin a dh'iunnsaich beagan de dhroch bheurla, do dhealbh fein, dealbh do mhnatha, do chloinne, agus do thighe gus a' phaipeir-naigheachd, agus bithidh luchd-turuis 'n am ficheadan agad a' tighinn a'd' fhaicinn mar chuis iongantais air an ath shamhradh. Ma's e am "feile beag is docha leat," rach cuairt leis roimh 'n duthaich agus bithidh tu cho ainmeil agus ged b'e Turcach no coileach-frangach a bhiodh annad. Ni an dara paipeir-naigheachd fìor Ghaidheal dhiot; ni am fear eile burraidh faoin dhiot a tha deanamh uaill as a luirgnean a bhi ris na feannagan.

"Ge mòr an duibheas beusan
Th 'eadar eucoir agus còir,
Cha 'n eol domh aite-seasaimh.
Gun a chos air aon de'n dhà."

arsa Rob Donn gu fìor agus gu geur. Tha eucoir agus còir cho dealaichte o cheile ri oidhche agus ri latha, ach mar a tha oidhche agus latha gheibhear iad an taice a cheile; agus moch 'us anmoch tha àm anns a' bheil e duilich a radh co-dhiu is oidhche no latha e. Tha

cuid d'ar giulan a tha e freagarrach gu'm biodh e soilleir do'n t-saoghal mar an latha; tha cuid eile a bu choir a chomhdach le brat na h-oidhche o gach neach ach ar coguis fein a mhain. 'S e cron ar latha-ne, thi mi meas, gu bheil sinn ro-dheas am brat so a tharruing a thaobh agus leigeadh le suilean an t-saoghail sealltainn 'n ar tighean agus 'n ar cridheachan na's trice na bu chòir.

Gus o chionn beagan uine b' iad na baird paipeirean-naigheachd na Gaidhealtachd. Chr 'n 'eil teagamh nach robh o shean, mar tha fathasd agus mar bhitheas cho fada agus a bhitheas daoine ann, cuid a' gabhail barrachd gnothuich ri nithean nach buineadh dhoibh na bha còir aca air; ach cha rachadh seanachas de'n t-seorsa so fhada agus cha ghleidhteadh ach goirid air chuimhne e. Is e na baird a mhain a bha comasach air cliù no mi-chliu duine a sgaoileadh air feadh na tìre agus a ghiulan a nuas air meodhair an t-sluaigh. Thug ar sluagh aoir mar ainm air na h-orain a rinn na baird a chronuchadh no chaineadh dhaoine 'us chleachduinean a bha iadsan a' meas toillteanach air achmhasan no air tamailt. A reir mo bhaird ghabh na baird gnothuch ri daoine ris nach robh gnothuch aca na bu trice na tha na paipeirean-naigheachd a' gabhail; agus anns a' Ghaidhealtachd co-dhiu chain iad gu ro-thric air dhoigh a bha narach, maslach, daoine gu mor a b'fhearr na iad fein. B'e còir nam bard mar luchd-teagaisg a bhi toirt breith air giulan dhaoine a bha gabhail orra a bhi 'riaghladh, a' stiuradh, no 'teagasg sluaigh; b'e an còir a bhi cronuchadh gach cleachduin 'us beachd faoin no suarach no cronail no peacach a bhiodh a' faotainn aite am measg dhaoine. Na's faide na so cha 'n aidich mi gu bheil còir aig bard no aig fear-teagaisg no aig paipeir-naigheachd gnothuch a gabhail ri deanadas a cho-chreutairean. Agus eadhon an fhad so, bhiodh e ceart gu'n cuimhnicheadh am bard gur e fear nan lamhan glan a mhain d'an tigeadh e dol a chronuchadh uilc.

(Ri leantuinn.)

Sgialachd na Troidhe.

DEALACHADH HECTOIR AGUS' ANDROMACHE.
BHO 'N GHREUGAIS.

LE EOBHAN MAC LACHAINN.

Cha 'n eil dàn 's a' Ghréigis a thug barr air "Dealachadh Hector agus Andromache," agus da rìreadh cha do chaill e a bheag dheth 'àilleachd le chur 's a' Ghàilig.

Bheirear fosnear gu 'm b'e Hector mac rìgh na Tròidhe agus gu' m b'i Andromache a chéile-phòsta. Tha 'm bàs na dhealachadh diachainneach gun teagamh, ach cha dad idir e ri shamhlachadh ris an dealachadh-bheò. B' e an dealachadh gun choinneachadh a bh' eadar Hector agus Andromache. Bha séisde ris an Tròidh 's an àm.

Chual' e 's ghreas air 'ais romh 'n t-sràid,
Seach sreithean thigh àrd nan cliar;

'S thuit gu 'n d' fhuair e 'ghaol a' bròn
Làimh ri còmhlaidh mhòir nan sgiath.
Chunnaic bean mhaiseach nam béus,
'S le plog éibhnis léum na 'dhail,
Andromache chaoin gun lochd,
A fhuair dìleab 's an toic làin;
Nighean Elioìn bu chian cliù,
Sluagh Chìlicia lùb do 'n triath,
Thebe cathair an laoich àigh,
'S Hippoclacus nan sgàil ciar.
Air cìch na h-òighe ri 'taobh,
Bha 'n geala-mhicein aobhach, ùr,
A ghnùis fhiamh-ghàireach mar réul
A dh' éireadh 's a' Chéitein chiùin.
Scamandrius, bho shruth nan sealbh,

(Air a leantuinn air taobh 22.)

[TD 20]

[Vol. 6. No. 3. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia mìosan,50

Tri mìosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's
an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an
aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi
an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 16 IULaidh, 1897.

Tha muinntir Eilean a' Phrionnsa gu bhi teaghadh pàrlamaid ùr Di-
màirt s'a tighinn. Tha leth-cheud duine 'sa naodh a ruith, naodh air
fhichead de Liberals, naodh air fhichead de Chonservatives, agus aon
Phatron. Mar is àbhaist tha iad air gach taobh a' gabhail orra bhi
cinnteach gur ann leotha san a theid an latha, ach 'se 'n latha
fhéin a dh'innseas co tha ceart. Tha aon ni bu chòir do dhaoine
chumail air chuimhne 'n àm a bhi taghadh luchd'-pàrlamaid, agus 'se

sin, iad a bhotadh leis na daoine 's fhearr, ge b'e taobh air am bi iad. Ma bhios na daoine cearta air am taghadh, cha chùram nach bi an dùthaich air a deagh riaghladh; ach ma bhios na daoine nach eil mar bu chòir dhaibh a bhi air an cur an dreuchd, cha dean iad riaghladh ceart ge b'e pàirtidh air am bi iad 'g an ainmeachadh fhéin.

Cha 'n eil ùbhlán agus measan eile gu bhi cho pailt am bliadhna 'sa bha iad an uiridh. Bha am bàrr cho trom an uiridh 's gu 'n do lagaich e na craobhan, agus cha bhi iad 'nan àite fhéin gu ceann bliadhna no dha eile. Tha sinn toilichte bhi leughadh gu bheil Ceap Breatunn a toirt ceum air adhart ann an togail mheasan, agus tha sinn an dòchas gu lean a' chùis mar sin; cha 'n eil fhios car son nach biodh an t-eilean so a' togail mheasan cho math ri àiteachan eile.

So toiseach bliadhna MHIC-TALLA agus bu chòir d'a chàirdean an t-airgead a chur uige air son bliadhn' eile. Tha moran againn ri phàigheadh a mach air a' mhios so, agus cuiridh an luchd-gabhail comain oirnn ma chuireas iad an dlighe ugainn gun dàil. Feuchadh iad nach dean iad dearmad oirnn.

Thuirte <eng>Admiral J. N. Miller, <gai> aon de cheannardan an airm mhara anns na Stàitein, o chionn ghoirid 'se labhairt mu dhion na dùthcha, "B' e mo chomhairle-sa do dhùthaich sam bith a tha air son a dhol a chogadh, i a chur a comhairle ri Breatunn mu'n tòisich i."

Cha d' thainig crìoch air aimhreit na Tuirce fhathast; tha fios a thainig air an t-seachdain so ag radh nach eil an Sultan a' toiat céill do thorl nan rioghachdan idir.

Comunn Gailig Halifacs.

Tha coinneamh gu bhi aig Comunn Gàilig Halifacs air feasgar Dior-daoin, an darra latha fichead dhe 'n mhios, aig ochd uairean.

EOS. D. SUTHARLAN, Runair.

Mu'n Uisge.

'Se loch uisge-uisge tur-chuairtiche le fearann, mar a ta Loch-nis, Loch-tadha, Loch-loimein, &c. 'S e abhuinn, uisge 'tha ruith leis na h-aonaich, ann an amar, sios do'n mhuir. 'Se fuaran no loch-mathair uisge aibhne. 'S e abar aite far am beil abhuinn a còmlachadh uisge' eile; mar a ta Abar-chaladair, Abar-thairbh, Abar-readhoin &c. 'Se ionbhar, am fearann cònard a ta shios mu abar aibhne; mar a ta an t-Ionbhar, Ionbhar-àir, Ionbhar-nis, Ionbhar-lòchaidh, &c. 'Se comar, mar an céudna, coinneachadh dà uisge, agus 'se comaraich a theirear ris an fhearann a ta eadar na h-uisgeachan; mar a ta a' Chomaraich (eadar Loch Caruinn agus Loch Toradain); a' Chomaraich ('an Siorrachd Pheairt); Magh-comair (eadar Lòchaidh agus Spiathain 'an Lochaber). Ri uisge a's lugha na abhuinn their sinn allid, caochan; steall, sruthan, srùlag, ruith uisge, &c.

'Se cuan-choire no slugan, ionad 's an fhairge far am beil an sruth 'ga thoinneamh, gu garg faochagach, àir chor 's gu'n deothail e leis, agus gun sluig e sìos gach nì air am fagih e greim. Tha fear dhiubh seo eadar Diùra 'us Sgarbh, ris an abrar Coirebhreacain.—Se an seol-mara, sruth an lìonaidh no 'n tràghaidh. 'S e corran no caisle, cuinge troimh am bi an sruth a' ruith gu cas corrach. 'S e sùmaid, no bàrc, tonn no stuaidh lunnach mhòr. 'Se 'm béulan an tonn a's faisge de dhithis, agus an cùlan an ath fhear dha. 'Se an clagh-an slochd a bhios eadar dà thonn. 'S e buinne-beò toiseach éirigh an làin gu reothairt. 'Si 'n reothairt, trà nan làn mòra. 'Si a' chòntraigh, trà nan làn beaga.

'S e sgeir, no roc, creag anns a' mhuir a thig ris (no dlùth air), ri h-àm tràighe, ach a bhios fo-thuinn ri h-àm a' mhor-làin. 'S e oitir, tanalach a bhios ris, ri tràigh.—'S e caol stiall chaol mhara eadar dà fhearann; mar a ta caolas Shiùna, caolas Mhic Phàdraic. 'S e port no aiseag, àite far am bithear a' dol thairis air uisg' ann am bàta. 'S e beul-àth, àite 'san urrainn neach dol troimh abhuinn ga chois. Ri slios no oir an fhearainn, cois na fairg, theirear còrsa, eirir oirir, cladach, tìr, no tràigh. 'S e morfach, fearann thar am bi a' mhuir no uisg' eile a' sgaoileadh corr uair.

Mìnich féin tabh, mearashal faothail, lunn stoirm, fiath, ciùine, glogruinn, fuaradh-froise, sgopraich, teine-sionnachain, taisdeal, trà, fannan, drothan, driuch, sion doinionn, soinionn, marcachd-sìne, onfhadh, sluistreadh fosghair, luinneinich, ruinigil, cuartag.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann
an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni

e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil, Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaidheachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. Mac Fhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 21]

[Vol. 6. No. 3. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha bòguis a bhuntata aig obair air an t-samhradh so mar a b' àbhaist, agus a' deanamh sgrios nach beag air a' bhuntata.

Chaochail naodh duine deug ieis an teas anns na mor-roinnean uachdrach air an t-seachdain s'a chaidh. Bha a' chuid mhor dhiubh an am Montreal.

Bha dithis dhaoine tinn leis a' bhrìc ann am Montreal air an t-seachdain s'a chaidh, agus chaochail fear dhiubh. 'S ann far na dùthcha a thainig iad le chéile.

Chaidh fear Uilleam Smith, a mhuinntir Charlottetown, E. P. I., a mharbhadh a sheachdain gus an Di-ciaduin s'a chaidh aig àite ris an canar <eng>Rocky Point.<gai> Thuit e le creig, agus bha e marbh air ball. Bha e ceithir fichead bliadhna dh' aois.

Tha <eng>Lieutenant Peary<gai> a' dol a thoirt sgrìob eile do 'n àirde tuath; bidh e falbh á Boston deireadh na seachdain so. Tha Caipitean Bartlett agus an sgioba ceudna 'sa bh' aige 'n uiridh a' dol 'ga ghiùlan fhéin 'sa chuideachd ann an soitheach do'n ainm <eng>"Hope,"<gai> agus taoghlaidh iad ann an Sidni a dh' iarraidh guail.

Tha duais cheud dolair air a tairgse do neach sam bith a ghlacas Uilleam H. Carmichael, a mhuinntir Halifax, a theich á Parrsboro, N. S., le faisg air ceithir cheud dolair de dh' airgead duin' eile. Bha e 'g obair aig greusaiche d' am b' ainm Henry Pettis, agus nuair a theich e thug e leis \$377 de chuid airgeid.

'S a mhaduinn Dior-daoin air an t-seachdain s'a chaidh, chaidh am bàta-smùide Hygeia na teine 'si aig laimhrig Vooght, an Sidni Tuath. Chaidh am mullach a losgadh dhith gu buileach, agus bidh an call gle mhor. Tha sinn a' cluinntinn gu bheil i gu bhi air a càradh 's air a cur an uidheam na 's fhearr na bha i roimhe air son a bhi ruith an aiseig.

Bha latha mor aig na h-<eng>Orangemen<gai> anns a' bhaile so Di-ciaduin. Bha iad cruinn as gach cearna de 'n eilean, còrr us coig ceud dhiubh; mhears iad troimh 'n bhaile mu leth-uair an deigh deich 'sa mhaduinn, agus chaidh iad a mach gu Ashby, far an robh <eng>picnic<gai> aca, 's far 'n do chuir iad seachad a' chuid eile dhe 'n latha. Bha dùil ri faisg air da mhìle dhiubh thigh'nn a nuas á Nobha Scotia, ach dh' fhairtlich orra còrdadh a dheanamh ri luchd an rathaid-iaruinn, agus cha d' fhuair iad tighinn.

Bha Iudhach do 'm b' ainm Mr. Khader, a' dol mu 'n cuairt o chionn ghoirid a liubhairt òraid mu thir Phalestine, agus dùthchannan eile na h-àirde 'n ear. Bha an òraid gle thaitneach, agus a toirt seachad moran fiosrachaidh. Bha àireamh ghillean us nigheanan aige air an sgeadachadh ann an culaidhean riomhach mar a tha 'n cleachdadh am measg an t-sluaigh anns na dùthchannan sin. Chòrd an òraid gu math ris gach aon a chual i. Bha Mr. Khader ann an Sidni o chionn da sheachdain air ais, agus bha e anns na bailtean eile mu 'n cuairt mu 'n aon àm.

Fhuair Coinneach R. Mac Coinnich, an Sidni Tuath, an la roimhe

sgeula-bàis a bhràthair, Alastair Mac Coinnich, a bha fuireach o chionn àireamh bhliadhnaichean ann am baile <eng>Fairhaven,<gai> an stàit <eng>Washington.<gai> Bha e aig àm a bhàis ann an cearna de Mhontana far an deach e air chuairt air son a shlàinte. Dh' fhàg e an t-eilean so o chionn da bhliadhn' deug air ais, agus shoirbhich leis gu math. Bha e treis a bhliadhnaichean 'na àrd-bhàillidh am <eng>Fairhaven,<gai> agus bha e na cheann air aon de bhancaichean a' bhaile cheudna. Bha e air aon de na daoine b' inbheiche bh' anns a' bhaile.

Tha na saighdearan a chaidh a null do Bhreatuinn gu Iubili na ban-rìgh'nn air tigh'nn dhachaidh. Chord an turus riutha gle mhath.

Chaidh càin sia ceud dolair a chur air soitheach Frangach ann am Moncton, N. B., air an t-seachdain so, air son an stiùbhart a smugaladh sia botuill branndaidh.

Bha stoirm mhor ann an Stàit Mhaine toiseach na seachdain so. Bha an t-side cho garbh ann am Portland 's nach d' fhàg soitheach an acarsaid fad da latha. Chaidh call nach bu bheag a dheanamh air muir 's air tir.

Cho gearanach 's gu robh sinn air an fhuachd, 'nuair a thainig an teas cha b'e b' fhearr. Bha teas mor ann air an t-seachdain s'a chaidh agus air an t-seachdain so. Bha e cho mor anns na bailtean mora 's gu 'n deach àireamh daoine a mharbhadh leis.

Ann an litir a' "Chuairteir," anns an àireamh roimhe so, bu chòir a bhì air a radh mu 'n phiob air an robh na gillean a' cluich, gu robh i ann am blàr Waterloo. Cha 'n eil fhios againn co bha 'ga cluich anns a' bhlàr iomraiteach sin, no ciamar a thainig i gu Loch Ainslie, ach cha 'n eil teagamh sam bith againn nach eil an "Cuairtear" e-fhéin comasach air a h-eachdraidh innse, agus 'nan deanadh e sin bhitheamaid 'na chomain.

Tha na bradain gle phailt an amhuinn Mhargaree air an t-samhradh so, agus thatar a glacadh moran dhiubh. Cha 'n eil balach no duine nach eil air an tòrr, agus tha daoine tigh'nn as gach cearna le 'n cuid dhubhan feuch an glac iad fear no dha dhiubh. Cha 'n eil àit air an eilean a's taitniche na Margaree air son an samhradh a chur seachad, agus tha pailteas nam bradan air a' bhliadhna so 'ga fhàgail na 's fìor thaitniche.

Thainig duine beairteach a bha 'fuireach ann am baile an California ri bheatha fhéin air an t-seachdain so. Bha e air dealachadh o mhnaoi o chionn bliadhna air ais, agus bha e làn riarachtaiche; ach air dh' ise bhì air son tigh'nn cuide ris a rithist, ghabh e deoch làidir de phuinnsean, agus chuir e crìoch air fhéin. B' fhearr leis dealachadh ris na bh' aige dhe 'n t-saoghal agus ris an t-saoghal fhéin na bhì 'n comunn na mnatha! B' olc an t-eolas a chuir e oirre.

Chaidh an seann tigh a bh' air oisean sràidean Shearlot agus Phitt a leagadh deireadh na seachdain s'a chaidh. B'e aon de na taighean bu shine bh' anns a' bhaile. Bha Lachuinn Mac Ghuaire, greusaiche, ag

obair ann fad shia bliadhn' deug air fhichead; 'se ar barail nach eil moran an diugh ann an Sidni a dh' obraich ùine cho fada air an aon làraich. Thatar a nise cladhach seileir, agus a' deanamh deiseil gus togalach mor, briagha, a chur suas 'na aite air son Comunn nan Daoin' Oga; agus ma mhaireas e cho fada 's ma ni e 'obair cho math 'sa rinn an seann tigh, ni e gle mhath.

Bha <eng>Ard-Lodge<gai> nan <eng>Good Templars<gai> ann am Baddeck air an t-seachdain s'a chaidh, Di-màirt, Di-ciaduin, 's Dior-daoin. Bha àireamh mhor de luchd na stuamachd cruinn as gach cearna de 'n mhor-roinn, agus chuir iad air dòigh gnothuichean a' chomuinn gu maiseach agus an deagh ordugh. Bha iadsan nach robh an Ceap Breatunn riamh roimhe gle riarachtaiche le 'n turus, agus bu mhath leotha tighinn a rithist. Bha àireamh de na h-oifigich air son na bliadhna tha tighinn air an taghadh á measg muinntir Cheap Breatunn;-an t-Urr. Uilleam G. Lane, Sidni Tuath, Ard-Theamplair; <eng>Albert I. Hart, Baddeck,<gai> Ard-Chomhairleach; E. G. Mac Fhiongain, Sidni, Ard-Rùnair; agus Anna B. Nic Gilleain, Hogamah, Ard-Iar-Theamplair. Nochd muinntir Bhaddeck mor chaoimheas ris gach neach aig an robh gnothuch ris a chomunn, mar is math is aithne do na Gàidheil a dheanamh anns gach àite 'ni bi iad.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35
Orain Iain Luim

.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmich.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

CARADH
Uaireadairean
Glanadh,

\$0.50
<eng>Mainspring,<gai>
.60

An da chuid,
1.00
<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.

<eng>Baddeck, C. B.<gai>

NUAIR THEID THU 'BHADDECK

taghail an stor

<eng>Albert I. Hart.<gai>

Tha Stor mor aige dhe na h-uile seorsa bathair.

Bathar Tioram Bathar Cruaidh

Amhlan, Aodaichean, Caiseart,

Adan, Curraichean, agus iomadh ni eile.

An seorsa 's fhearr 's a' phris a's isle.

<eng>ALBERT I. HART.

Baddeck, Aug. 1, '90.<gai>

NIALL DOMHNULLACH,

CEANNAICHE.

Ti, Siucar, Amhlan, Milseanan, &c.

Leabhraichean Gailig dhe gach seorsa.

Mu choinneamh Tigh-Osda Dhunlap.

<eng>BADDECK, C. B.<gai>

Tha e na fhear-gnothuich do'n MHAC-TALLA, agus faodar pris a phaipear, agus ainmean luchd ghabhail thoirt dha.

CUIR A DH' IARRAIDH A MHAC-TALLA

\$1.00 SA BHLIADHNA.

[TD 22]

[Vol. 6. No. 3. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 19.)

Rinn Hector a ghairm de 'n òg.

Astijanax ainm bho chach

Thaobh an t-suinn bu sgàth do Thròidh.

Snodhadh sòlais rinn an laoch,

'S thòisich faoilt an t-aigheadh mòr.

Sheall gu tiamhaidh 'n rìghbhean àigh;

Ghlac i 'làmh 's thuirt briathran bròin.

Le h-osnaich bho ghrunn d a cléibh,

Chite 'bràighe 'g éirigh dlùth,

Airteal 's na mailthean a' snàmh,

'S na deòir lan air chrith 's an t-sùil.

'S olc, a rùin, gun d' fhaicill géur:

Bheir àrd-mhisneach d' éug romh 'n àm,

Gabh truas ri d' aon-mhnaoi, a ghaoil,

'S ri d' mhaotharan caointeach, fann!

Is dilleachdan esan gun taic,

Is banntrach mis' an astail fhuair;

'S dall oidhche bhròin i bho 'n là

'Theid thusa, 'laoich àigh 's an uaigh.

Comhrag aonfhir 'fhad 's bu bheus,
Cha dìogadh a' Ghréig ort buaidh:
Nis thig am mòr-fheachd a bhéum,
'S torchrar mo dheagh-threun le 'n cruaidh
Mu 'm faic mi sealladh a' chràidh,
Leagar mo chreubh tràth fo 'n fhòid;
'S crìonadh as bho thùs gu déis
Aimsir ghéarr mo ré 'am bròn.
Gun athair, gun mhàthair chaoin,
A lughdaicheadh fàth mo dheur;
Bhrisd an t-Aicheall ar stuadh àrd,
'S chuir tein' i na 'smàl 's an speur.
Thuit m' athair le sonn nan ruag,
Ach ghabh e fhéin truas de 'n mharbh;
Oir loisg e 'n corp air a' bhlar,
'S éideadh àluinn nan sàr dhealbh.
Dh' adhlaic e 'n luath 's an fheart mhòr;
'S chàirich teaghlach Iobh nan nial,
Rìbhinnean-sìth nam beann àrd,
Dosraich gheug mu 'n fhàl g'a dhion,
Mo mhathair o ghléidh fo smachd,
Hippoplac' nan glac 's nan craobh;
Sguab e leis anns an luing luaith,
Gu raon Thròidh thair chuan le 'mhaoin.
Dh' fhuasgladh a' bhan-rìgh fa-dheoidh;
Air cheannach òir dh' fhalbh i saor;
Chnàmh mulad ise na 'cùirt fhein,
'S gaithean Phæbe nan ruinn caol.
Ach 's athair thus air mo sgàth,
'S màthair thu 's is bràthair caoin,
Ath-chasgair iad sid gu léir
An uair is éug dhuts', a ghaoil!
Cùram fir 'us athar thlàth
Gabh de d' mhnaoi 's de d' phàisdein bròin.
O! na fàg esan gun stuaidh,
'S mis' am bhantraich thruaigh gun treòir.
Seall-tu 'm biùbhaidh garg a' strìth
Mu 'n chraoibh-fhìgis faisg do 'n Tròidh.
Fan-s' aig an tùr ud ri gléus,
'S cùm na 'n draip a' Ghréig 's a slòigh,
So ionad 's am breòite 'n stuadh;
Trì uairean le ionnsaidh ghairbh,
Mhosgail Ajax 's an dà rìgh,
'S Idomen nach min 'am feirg.
Diomed uaibhreach nan garg-bheairt,
'S fìor ghaisgeach nam feachd fo 'n iùl;
Mhaom trì uairean le 'n làn neart,
'S shaoil iad gu 'n ghrad-ghlacte 'n dùn:
Co dhiubh 's gaisg' a ghluais an gnìomh
No sanais nan dia bith-bhuan:
Ach gleachdadh càch far am miann,
Bì-sa 'so 's thoir dìon do d' shluagh.
Thuirt Hector bu mhòrach gnùis,
'S leamsa 'chùram sin gu léir;

Iomlaid g'an éirich bho 'n chùis
Chì mise 's bheir iùl ga réir.
Ciod a labhradh gaisgich Thròidh,
'S òighean nan sròl sguabach slìom,
Na 'm faicteadh meath air mo threòir,
Stad-feachd orm mar dheòiridh tìm!
Tha m' aigneadh air ghoil gu gleus,
'S nòs leam éuchd air bhéul mo shluaigh;
B' àrd m' athair an cliù nan arm,
Cha mhill mis' an t-ainm ri m' luath.
Ach thig oirnn an dàn gu 'n bhréig,
'S goirt mo chrìdh' 's mo bheul ga luaidh,
Aomaidh Tròidh mhorachd gu làr,
'S crìon-sheargaidh a h-àgh 's a h-uaille.
Ge géur an taisbein so, mo leòn,
Nearth mo shlòigh ga 'n sgrios le h-àr,
Bàs mo mhàthar, m' athar gaoil,
'S a chiabh aosd' am fuil a' snàmh.
Mo bhràithrean sìnte air an tràigh,
A' plogail fo spàirn an éig;
'S géire na sid uil' mo chradh,
Thus', a ghràidh, 's gach pràmh 'tha 'd dhéigh.
D' fhaicinn gu bochd, tùrsach, fann,
Air bhall-chrith fo 'n t-slabhraidh chruaidh;
Ga d' bhuin leo mar thràill do 'n Ghréig,
A dhealbh sgéul air eideadh nuadh.
Fo smachd nam Buadhach gun bhàigh,
'S tu 'g iomchar làn-chuinneag trom:
Their iadsan 's tusa ga d' chnàmh,
Feuch, bean Hectoir àigh nan glonn!
Brisdidh do chridhe na 'bhruan,
'S beòil gun chaomh a' luaidh lir m' ainm.
Nàire 'dùsgadh mhìle bròn,
Do smaoin air a' ghlòir a dh' fhalbh.
O, gu 'n robh mise 's an uaigh,
'S a' chadal bhith-bhuan nach dùisg,
Am chreadhaidh fhuair seach mu 'n cluinn
Osnaich ghoirt no caoidh mo rùin!
Thuirt flath nan arm faobhar-nochd,
'S thairg le sòlas a dhà ghlaic
Iathadh mu gheal-chneas a mhic:
Shnaoidh an leanban le àrd-sgairt.
'S dhlùthaich ri uchd earradh shròil
Na mnà-altruim bu chòrr snuagh
Air chrith romh ghnùis 'athar àigh,
'S romh 'n loinntreadh a dhearrs bho 'chruaidh,
'S romh 'n tiugh-bharr bhabagach ghlas,
Ga 'chrathadh mu bheairt nan dos:
Ghàir a' chàraid gu fìor ait,
Mu 'n nì bu cheann-fàth do 'n chleas.
'N sin thug laoch mìlidh nan glonn,
An t-ùr éideadh bhàrr a chinn,
'S leag gu socrach am ball trom,
A' boillsgeadh thair làr an fhuinn.

Rìsd 'n uair 'phòg e 'mhicein gràidh,
'S a thog 'na dha làimh le cuairt,
Dh' aslaich e mòr-rìgh nan nial,
'S uil' aitim nan dia bith-bhuan.
Thus' a shoillsich tolg nan speur
'S a mhaithean nach éug gu bràch,
Saoraibh mo mhac bho gach béud,
'S treòirichibh a cheum gu h-àgh.
Coisneadh e mo chliùth-s' air chòir,
A' dìdinn a shlòigh a's rìgh,
'S aithn'gheadh a Bhiùbhaidh 's gach béum,
Hector èuchdach na h-ath-linn.
Air tilleadh bho strìth nam buadh,
Ag giùlan faoibh ruaidh an àir,
Eubhadh Tròidhich le h-aon-ghaoir
"Thug on laoch s' air 'athair barr!"
Cridh' a mhàthar thair gach té,
Le h-éibhneas a' léum na 'cliabh,
'S alla cian-sgaoileadh gach beòil,
A' sìor-aithris sgeòil a ghnìomh.
An sin le dùr-bheachd a ghaoil.
Dh' aisig e' m Beag maoth g' a rùn;
Chuir is' a bheul ri geal-chìch,
Air uchd spìsrìdh nan séud ùr.
Bhreug i 'n sin e gu clos-thàmh,
S sheall le gàir air a ghlan-ghnuis,
Ach chlaon fiamh a gean gu neòil,
'S thuit na deòir bho 'meall-shuil chiùin.
Mhaothaich na chom crìdh' an tréin;
Ghlac e léug nam beus air làimh;
Shiab e 'n leann-driùchdach bho gruaidh,
'S leag e 'smuairèin le cainnt thlàth:
'Ulaidh m' anma thair gach mnaoi,
Com' na chaochail bròn do shnuagh;
Arm biùbhaidh cha dìong mo bhàs,
Romh 'n cheart là s' an dàn domh 'n uaigh.
Cha d' fhuair bith gun 'fhàgail fhéin,
Neach fo 'n ghréin cha shnaoidh an t-àm,
'S dual do 'n éug an treun 's am fann.
Tìll-sa nis, a ghaoil gu d' ghnìomh,
Stiùir le h-iùl an sniomh 's a' bheairt,
Dhomhsa 's còir 'bhi 'triall gu m' chliu:
'S àite mìlidh tus nan gleachd.
Labhair e 's ghrad-chuir mu 'cheann
Eideadh dosach nam bab fionn:
Thill ise gu déurach, trom,
Bho chomhradh mìl-bhlàst an t-suinn.
Suil thair ghualainn air gach ceum,
'Fhad 's bu léir dh' i gu luchairt fhéin,
Leig i 'n t-srian leis a' gheur bhròn.
Chual am Bannal reachd a cléibh,
Thog iad gu léir an éigh thruagh,
A' tursa mu 'n bheò cho goirt,
'S ged dh' adhlaiect' a chorp 's an uaigh.

ELIAH.

Ach faiceamaid cia mar shoirbhich leis an ard-ghaisgeach Eliah, agus e 'seasamh leis fein air sliabh Chairmeil am measg a' choimhthionail mhoir a chruinnich aig iarrtus an uachdarain gus an ionad sin. Is e maduinn an latha 'tha fathast ann. Cha 'n eil freagradh a' tighinn bho neach air bith do na cheist a chuir Eliah riu. Tha samchair eagallach air feadh faidhean Bhaail agus an t-sluaigh a bha gu h-amaideach a' leantuinn an riaghailtean stiuiraidh. Ma dh' fhaoidte gu bheil an curantachd 's an dalmachd a' treigsinn nam faidhean cealgach a tha 'sealbhachadh aite 's meas 'us cumhachd nam faidhean d' am b' abhaist teagasgan an spioraid naoimh aithris. Feumaidh iad, co dhiu bhitheas iad togarrach 'us deonach, oidheirp dhana 'dheanadh a chum ainm 'us buaidhean an De fhaoin sin d' an robh iad a' sleuchadh 's ag iobradh gu moch 'us gu h-anmoch, a dhion 's a thearnadh. Bha iad tosdach an deigh do Eliah an t-achmhasan geur a labhairt. Cha do roghnuich faidh aonarannach an Tighearna, e fein 's a' chuis a reiteachadh. Tha 'n sluagh a' comh-aontaicheadh gu toileach leis an ni 'tha e 'g iarraidh a dheanamh, a chum gu faic luchd-aiteachaidh na tire, 's gu cluinn a bhan-righ Iesebel nighean Ethbaail righ nan Giodeonach, co 'bhuaidhich anns an stri, co e 'n Tighearna a's Dia ann, agus uime sin, co d' an coir do 'n t-sluagh gu leir umhlachd 'us aoradh a thabhairt. Air an dara taobh, chitear armailt Bhaail, -ceithir cheud agus leth cheud faidh, -air am brosnachadh 's air am misneachadh, oir tha daoine saobhir 'us cumhachdach na tire 'n an cairdean doibh. Air an taobh eile, chitear an sar-ghaisgeach foghainteach, Eliah, faidh an De bheò; tha e seasamh leis fein. Na aonar tha e air a chuartachadh le miltean aig nach eil baigh ris, gidheadh, eadhon anns an t-suidheachadh dheuchainneach so, cha 'n eil a chridhe fann 'us cha 'n eil a ghaisge faoin. Tha 'n Tighearna, Dia nam feart aige 'na fhear cuideachaidh, 'us cha 'n eil aobhar aige 'bhi gealltach no sgathach. Is foinnidh meamnach da rireadh tha 'n laoch dileas a' cumail suas ard onoir an De mhoir. Dheas-

[TD 23]

[Vol. 6. No. 3. p. 7]

uich cuideachd Bhaail an altair agus chuir iad feoil a bheathaich an ordugh oirre. O mhoch-thrath an là iomraiteach, ainmeil so, gu àm na h-iobairt fheasgair, cha 'n eil an dia faoin d' an robh na Fiodonaich ag iobradh, a tabhairt geill no eisdeachd do na faidhean amaideach. Tha toirm us fuaim an glaadhaich a' dusgadh mhic-talla ann an creagan Chairmeil, agus a' bàsachadh anns an astar. Le lannan geura 's le claidhmhnean sgaiteach, tha iad g' an gearradh féin. Tha 'n sgeadachadh dearg leis an fhuil a tha 'taomadh as na creuchdan. Ach cha 'n eil stath, no feum, no tabhachd, no eifeachd an aon ni 'tha iad a' deanamh. Bithidh iad cheana eagalach agus amharusach gu teid an latha gu buileach 'n an aghaidh, gu fannuich iad anns a' chomhstri, 's gu tionndaidh 'n an aghaidh le fearg mòr, an sluagh d'

an robh iad 'n an aoidhearan 's 'n an cinn-iuil co dall, co dalma 's co mearachdach. Chleachd iad cuilbheartinn leachdach,—ma 's fìor beul-aithris geill a thabhairt dhi—a chum gu loisgeadh iad an fheoil air an altair. Chuir iad duine an taobh a stigh de 'n altair, a chum gu beothuicheadh e an teine; ach mharbhadh e mun d' rinn e an ni bha 'n earbsa ris. Ma dh' fhaoidte nach eil buannachd air bith ann a bhi 'tabhairt geill no eisdeachd do sheanachas de 'n t-seorsa so; gidheadh, tha e nochdadh cìod e 'm meas a bha na ginealaich a thainig 'n an deigh a' cur air faidhean Bhaail a thruaill tir Israeil le 'n iodhal-aoraidh tamailteach agus le 'n doireachan uaine. Tha cinnt gu leoir aig Elisha an Tishbiteach, ciamar theid an gnothuch cudthromach so 'shocrachadh. Cha 'n eil e ann an aineolas air bith gur e 'n Tighearna a's Dia ann. Gidheadh, tha e 'gnathachadh meadhonan a chum gu faic treubhan Israeil—a chul-shleamhnuich agus a thuislich o reachdan an Ti a's ro-airde-air mhadh nach gabh aicheadh no cur air chul: gur ann an slighean mearachdach, mealltach a tha iad fein gu siubhlach ag imeachd. Tha 'n cridhe nadurra peacach easgaidh a thabhairt eisdeachd de bheachdan a tha comh-chordadh ris na faireachduinnean aige fein. Ach is mall 's is mairnealach a dh' aomas an cridhe ri nithean a chronuicheas a mhi-bheusan us aingidheachd fein.

CONA.

Mu 'n Fhearann.

'Se tairbeart-amhach fhearainn eadar dà mhòr-roinn, no eadar dà uisge; mar a ta tairbeart Shùeis, (eadar <eng>Africa<gai> 's an Aisia); tairbeart Phanama (eadar dà Ameirica), &c.—'S e eilean, no innis, no ì, fearann tur-chuairtiche le h-uisge; mar a ta Madagascar, Eigh-innis, Breatuinn, Eirinn, &c.—'S e doirlinn mìr fearainn nach mòr nach eil 'na eilean; mar a ta Lochluinn, an Eadailt, a' Ghréig, &c.

'S e srath, cònard glinne. 'S e gleann, fosgladh eadar aonaichean. 'S e làr no ùrlar glinne a shrath. 'S iad a shlios, taoibh nan sliabh a ta 'togail o 'n t-srath. 'S e sliabh, aonach ìseal leathann. 'S e beinn, monadh àrd. 'S e cruach, meall cruinn air leth. 'S e sgùrr, monadh biorach cas ag éiridh air leth, no cnap binneineach corrach air druim no uchd monaidh eile. 'S e bealach-béum, bearradh sgor no eag ann am monadh. 'S e làirig bealach no slighe eadar dà mhona. 'S e cadha bealach cumhang ri slios no ri bun monaidh. 'S e stùc bruchd atmhor air uchd monaidh, agus á h-aodunn aillteach, cas. 'S e guala, oisin no uilinn monaidh. 'S e srôn, rugha no àird a' ruith o mhonadh gu srath. 'S e giùirne, foinne no cnap cairgneach air mullach, no air taobh monaidh. 'S e fàireamh iomall no faobhar monaidh mar chitear e eadar an t-sùil agus an spéur. 'S e coire, fosgladh cruinn leth-lòpanach ann an uchd monaidh. 'S e aillte, creag àrd chorrach chas. 'S e fasadh, cònard fo mhulc fearainn 's e 'dol 'na rugha mach 's an uisge. 'S e bàrr, no bràighe, a' chuid a's àirde de dhùthaich; agus bun no iochnar a' chuid a's isle dhith. 'S e lôm-àite neo-fhasgadhach cònard. 'S e innis, cònard fhasgadhach rith fo dhìon coille.

Mìnich féin druim, fireach, mullach, cìrean, glac, feadan, fraigh, réithlean, ruighe, creachunn, doire, coille, frìth, lòn, fàsach, &., learg, leitir, lurga, goirtean, aonach, uchdach, tom.

Briathra Cairdeil.

Cha mhor a' chosdas briathra cairdeil. Cha ghabh e uine fhada chum an labhairt. Cha tog iad leus aon chuid air an teangaidh, no air na bilibh, air an turas a stigh do 'n t-saoghal, ni mo an dean iad dochunn sam bith do 'n chorp no do 'n anam. Tha daoine glìce ag innseadh dhuinn gu 'm bheil na briathra feargach a ghnathaicheas duine 'n a dhian-chorruich mar chonnadh do lasair na feirge, leis an loisgear ni 's seirbhe agus ni 's seirbhe e. Ach, air an lamh eile, bheir briathra tla agus caoimhneil a mach toradh cairdeis agus sìthe a reir an gne. Meudaichear caoimhneas le briathraibh caoimhneil, agus sin gu h-ealamh cinnteach. Ni briathra caoimhneil iadsan caoimhneil a dh' eisdeas riu, gun fhios gun aire dhoibh fein. Marbhaidh briathra fuara muinntir eile le fuachd; losgaidh briathra teth iad, le teas; lotaidh briathra geur iad le lotaibh; nithear garg iad le briathraibh searbh; agus feargach le briathraibh corruich; ach dealbhaidh briathra caoimhneil an iomhaigh fein air anam an duine, agus is maiseach, aluinn, oirdheirc, an iomhaigh e! S.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO., <gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

D. A. Mac FHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear tagraidh. Comhairliche, Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia

Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 24]

[Vol. 6. No. 3. p. 8]

An Seillean Agus a' Chuileag.

LE NIALL MAC LEOID.

Air maduinn chiùin 's a chéitein thlàth,
Gach doire 's crann 'us gleann fodh bhlàth,
Bha 'n smeòrach agus eòin nan spéur
Le 'n luinneig bhinn ac' air gach géig;
Na laoigh 's na h-uain a' leum le fonn,
A' ruagail mu gach preas 'us tom;
'Us braon de 'n driùchd air bhàrr gach feòirn'
A' dealradh air an cinn mar òr.

Bha cuileag sgiathach fhaoin gun chéill
'G a cluiche fhéin ri blàths na gréin';
I 'null 's a nall, i 'sios 'us suas,
Gun dragh, gun chùram, 'us gun ghruaim.
Bha seillean stiallach, ciallach, còir
A' falbh a chothachadh a lòn,
Ghlaodh a chuileag "ciod e 'n sgeula?"
'S labhair iad mar so ri chéile-

A' CHUILEAG.

"Nach ann ort tha 'n drip an còmhnuidh?
Fuirich tiota leam ag còmhradh:
Ciod an tairbh' 'tha dhut 's a t-saoghal.
Ga do mharbhadh fhéin le saothair?
Bho mhoch gu dubh, bho bheinn gu tràigh,
Cha 'n fhàg thu lus no sòbhrach bhàn,
Cha 'n fhàg thu cluaran, dris no ròs
Nach toir thu greiseag air an deoth'l.

Seall thu mis' an so cho éibhinn,
'Danns' an gathan caoin na gréine;
'S cha 'n 'eil mi uair no tràth gun lòn,
Ged nach 'eil mìl agam an stòr;
Ma thig am fuachd, 's an geamhradh gann,
Cha dean mi ullachadh roimh 'n àm-
Thigeadh uair 'us àm na h-éiginn,
Cha ghabh mi dragh dheth gus an fheudar."

AN SEILLEAN.

"A chreutair aimidich gun ghò,
Gur beag 'tha 'ghliocas an do ghlòir;
Ged 'tha thu 'n diugh 's do chupan làn.
Cha mhair an saibhreas sin ach gearr;
Thig doinionn shearbh 'us geamhradh garbh
A bheir do shòlasan air falbh;
Cha 'n fhaigh thu blàths air feadh nan gleann,
Cha tog a' ghriann ach fann a ceann.

Gach ròs 'tha 'sgeadachadh nam bruach
Bheir reòdhtachd fhuar air falbh an gruag;
Cha chluinn thu smeòrach air gach géig,
Cha 'n fhaic thu uain a' ruith 's a' leum;
Bidh mis' an sin gu seasgair blàth,
'S a' bhothan bheag a dhealbh mo làmh;
Cha bhi mi 'n taing aon neach fo 'n ghréin,
A' sealbhachadh mo shaoithreach fhéin.

Bidh tus' an sin na d' dheòiridh truagh,
A' dol mu 'n cuairt gun dreach gun tuar,
'S tu leis a' ghort a' faotainn bhàis,
An tuill 's an uinneagan an sàs:
Thu air an déiric anns gach àit',
Gun mhath dhut fhéin, gun tlachd do chàch;
Sin an dòigh a chleachd do shìnnis,
'S dòigh nach dean an slìochd a dhìobradh."

A' CHUILEAG.

"Bu tric do shaothair fhéin gun bhuaidh,

Ged 'tha thu 'n diugh a' deanamh uaill,
Am bothan beag a dhealbh do làmh,
'S e air a leagadh sìos gu làr;
A' mhil, a choisinn thu gu cruaidh,
A' falbh a' dranndan mu gach bruaich,
Aig càch a' stigh gu h-ait 'g a h-òl,
'Us tusa 'muigh gun taigh, gun lòn

Ach 's lionmhor iad 'tha dheth do sheòrs',
'Tha 'deanamh uaill á meud an stòir;
Bho 'n saothair ghoirt chà ghabh iad tàmh,
Ag càrnadh suas gun fhios có dha;
Bu tric do shìnsir fhéin ri fuaim,
An cuid 's an ionmhas 'g a thoirt uath';
Ri rùsgadh ghath 's a tarrainn lann,
'S an tigh 'g a leagadh sìos mu'n ceann.

Ach mheas mi fhéin-'s e sin mo ghnàths-
Na 'm faighinn idir cosg an tràth,
Gu 'm b'fheàrr dhomh subhachas 'us ceòl
An ùine bheag a bhios mi beò;
No ged a gheibhinn saibhlean làn,
Gun fhois gun sìochaint air an sgàth,
Oir 's e mo dhòchas 'us mo chréud
Gu 'm faigh gach latha lòn da fhein."

AN SEILLEAN.

"Ah! 's duilich leam nach tus' a h-aon
'Tha beathachadh air plaosgan faoin,
'Tha gabhail fàsaidh fodh gach sgleò,
Le beatha dhìomhanaich mar cheò;
An ùin' a' ruith gun mhath gun fheum,
Cha 'n fhàg iad cliù no ainm 'n an déigh,
'S cha d' thug iad géill do 'n duine ghlic
A dhearbhadh nach deanar gnìomh fodh 'n lic.

Tha mise mar a bha thu 'g ràdh,
Bho mhoch gu dubh, bho bheinn gu tràigh;
Ach 's iomadh ròs a nì mi 'dheoth'l
Bho 'm bheil a' mhil an déigh a h-òl;
Gidheadh cha 'n fhàs mo mhisneach fann
A' saothrachadh bho àm gu àm,
Oir chreid mi riamh-'s i sin an fhìrinn-
'Gu 'n tig toradh math á dìchioll.'

Cha robh mi riamh na m' thróm air càch,
Cha mhò a bhraid uo ghoid mo làmh,
'S cha bhì mo lòn ri m' bheò an éis,
Ma dh' fhàgar agam mo chuid fhéin;
Ach ma thig nàmhaid orm gu teann,
Ma spùinneas e mi fhéin 's mo chlann,
Cha d' chuir o còmhdach riamh mu 'cheann,

Am fear nach tàrrninn ris mo lann.

'Us beag no mòr g' am bi ar neart,
Ma ni sinn leis an ni 'tha ceart;
Ar buadhan biodh iad lag no treun,
Ma chuireas sinn iad sin gu feum—
Cha tuig thu mar a dh' fhàsas càrn,
Le clach a thilgeadh ann an ghnàth,
'S e braonaibh faoin' a lion an cuan,
Is duslach mìn gach beann mu 'n cuairt.

Dùisg suas, ma ta, 'us tog ort greann,
Bi saothreach fhad 's a gheibh thu 'n t-àm,
Tha samhradh caomh a' falbh 'n a dheann,
Tha 'n geamhradh gnù a' tarrainn teann,
Ma mheallar thu an so le bréig,
Bi cinnteach 'n uair a thig an t-éug,
Gu 'm bi do chliù 's do dhuais d' a réir
Bho 'n Ti 'thug beatha do gach cré."

Thug iad greis mar sin air còmhradh,
Ged nach robh iad tric ag còrdadh,
'Us mar a thachair dhuinn gu léir,
Bha iad car dian 'n am barail fhéin;
Ach le dùrachd gheanail spéiseil
Ghabh iad latha math de chéile,
Dh' fhalbh an seillean còir 'us srann aig',
'S theann a' chuileag fhaoin ri dannsa.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION—CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia. —agus— <eng>127 State St, Boston,
Mass.

<eng>C. P. MOORE.<gai>

THA SINN A CREIC,

Paipear-tearra Tairnnean

Luaidhe Glaine

Glasan Tuaghannan

Saibh Olla

Sguabaichean Bucaidean

Lainntearan Fudar

Sgeinein Siosaran

Paipear-tubhaidh.

SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

[TD 25]

[Vol. 6. No. 4. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 23 IULaidh, 1897. No. 4.

Litir a Ontario.

Cha'n eil moran agam ri radh air an turas so, ach air son ainm gun bhi leisg a chumail suas, cuiridh mi beagan shreithean ugad. Bha an t-side fuathasach teth againn an so o chionn tri seachdainnean; bha 'n <eng>thermometer<gai> a dìreadh cho àrd ri 100° anns an duthar. Ach thainig frasan uisge, agus tha e na's fionnaire aig an àm so.

Tha na tuathanaich a nise gu trang ris an fhiar, bàrr a tha anabarrach math air an t-samhradh so. Cha robh urad feòir anns an àite so o chionn bhliadhnaichean 'sa tha ann am bliadhna. Tha 'n criothnachd mar an ceudna gle mhath; cha 'n fhiosrach mi air fhaicinn cho math o'n is cuimhneach leam. Mur tig meirg no gaiseadh sam bith eile na rathad, theid e eadar 35 us 40 baiseal an t-acaire. Tha am bàrr uile gu leir gle mhath a reir coltais.

Tha margadh math air spréidh 's air mucan, agus tha timeanan ag amharc suas, agus gu cinnteach tha feum air [?] anns an àite so cho math ri àiteachan eile. Tha moran de mhuintir ann a tha fad air ais a thaobh nithean an t-saoghail so, agus air an laimh eile tha moran ann aig am bheil moran de stòras an t-saoghail so nach eil a gabhail ach gle bheag de thoil-inntiun, agus 'nuair a chuirear iad féin 's

an duine bochd taobh ri taobh cha'n eil eadar-dhealachadh sam bith eatorra o'n taobh a mach, agus 'sann aig a Chruithidhear fhéin a tha fhios mu'n taobh a stigh.

Tha gach latha-féille air dol seachad. Bha luchd nan còtaichean buidhe (na h-<eng>Orangemen<gai>) a mach mar a b' àbhaist air an dara latha deug dhe'n mhios so. Bha Iubili na Ban-Rìgh'nn air a chumail gu h-òrdail. Bha an Comunn Gàidhealach a mach anns a' bhaile so air feasgar an latha sin, agus Eachunn Mor Domhnullach a' seinn na pioba dhaibh. Le 'phearsa bhriagha fhéin agus le ceol binn na pioba, thogadh e fonn air cridhe Gàidheil ged a bhiodh e gu tuiteam sios. Bha 'bhuidh sin air a' phiob-mhòir riamh.

Tha moran Ghàidheal againn ann an so; dh' fhaodadh coig ceud MAC-TALLA bhi air a leughadh ann an coimhearsnachd Phriceville gach seachdain, 'nan deanadh iad uile 'n dleaasanas. Tha Dùghall Mac Gilleain a' smaoineachadh nach eil paipear ann cho math ri MAC-TALLA, agus tha e gle dhuilich nach urrainn da a lamh ùisneachadh e reir a chinn, oir tha ceann mor an duine ghlic air agus gu leòr ann.

Tha moran a pòsadh ann an so air an t-samhradh so; tha mar an ceudna moran a' caochladh, agus tha àireamh nach beag a' tigh'nn a stigh do'n t-saoghal a ghabhail an àite.

Tha mi fada 'nur comain, fhir-dheasachaidh air son na taing a thug sibh dhomh anns a' phaipear o chionn ghoirid, agus tha mi 'n dòchas gu'n teid leibh féin 's le MAC-TALLA gu math. Tha 'n t-àm agam sgur an dràsda, ach cluinnidh, sibh uam an ùine ghoirid a rithist ma bhios mi gu math. Slàn leibh aig an àm so. Is mi ur caraaid,

IAIN MAC ILLEASBUIG.

<eng>Priceville, Ont,<gai> 19, 7, '97

Sean-Fhacail.

An truir d'am bheil e ceadaichte 'bhi acrach-aoireannach croinn, buachaile tuim, agus ban-altrum cuim.

An t-uisge tha 'sa bhraighe, bidh cuid dheth 's an Inbhir.

An uair a bhios ceo air Cruachan cha bhi pathadh air Urchaidh,

An uair a bhios h-uile duin' air muin a bhodaich, bithidh a chailleach fhein air muin a bhodaich.

An uair is e ròn a's cu 'san ruaig, cha teid geàrr a chuain as.

An uair nach toir thu lan do dhùirn á cuagan, bheir thu lan do mhedir as.

Aon eun aig a chorr 's e gu doitheanech doirbh; da eun deug aig an dreollan, 's iad gu soitheamh soirbh.

Apran ùr air beulthaobh Nèill.

Beannachd leis an ni a dh' fhalbhas—cha 'n e a dh' fhoghnas.

B' fhearr a chreach a bhi 's an tìr na la Fhéill—Bride 'bhi math.

Bha mis' air banais ceàird roimhe so.

Bhris iad an cnaimh ach cha d' fhuair iad cothrom an smior a dheothal.

Tha paipeir—naigheachd anns a' Ghearmailt, am <eng>Magdeburg Gazette,<gai> a tha da cheud gu leth bliadhna dh' aois, agus buinidh e fhathast do shliochd an duine chuir a mach an toiseach e. 'S gann gu bheil a leithid eile air an t—saoghal.

Fhuair sinn litir ghasda bho ar deagh charaid, "C C." Bha i beagan anmoch air son na h—àireimh so, ach gheibhear i air an t—seachdain s'a tighinn.

Litir Ghoirid.

A CHARAID:—Cha robh mi idir an dùil gu'm bitheadh tu cho fada gun do chuid airgeid. 'S fìor thoigh leam do phaipear, agus tha mo Ghàilig a' dol na's fhearr a h—uile latha. Cha'n eil duin' agam a chuidicheas mi, ach dìreach mar a theid agam fhìn air. Is toigh leam a' Ghàilig, agus tha pròis orm air son mo shinnsir. Tha mi creidsinn gur h—iad na Gaidheil salann na talmhainn. Tha thusa 'deanamh obair mhòr agus tha mi 'n dòchas gu faigh thù do dhuais. Tha mi toilichte fhaicinn gu bheil MAC—TALLA a' fàs agus a' sìor dhol na's fhearr. Gu ma fada beò e; cha'n eagal dha ma bhios na Gàidheil dìleas dha. A' guidhe soirbheachadh leat, is mi do charaid dìleas,

R. I. G.

Cha 'n eil dleasan a tha sinn a' dearmad nach eil a falach uainn fìrinn air 'm bu choir dhuinn a bhi fiosrach.

An ni sin nach urrainn thu a leasachadh, annad fhéin no am muinntir eile, 's còir dhuit a ghiulan gu foighidneach gus an òrduich am freasdal atharrachadh.

Tha coltas briagha air gach seòrsa barra anns na h—Innsean air a bhliadhna so. Ma bhios e cho math 'sa tha e gealltuinn, cha'n eagal gu'm bi gorta ann air an ath bhliadhna.

Bha aon de na réiseamaidean Gàidhealach ann an Inbhirnis o chionn ghoirid a feuchainn ri daoine fhaotainn gu gabhail 'san arm. Bha an cuid oifigeach gu saothreach fad an latha, ach cha d'fhuair iad ach aon duine a ghabhadh "tasdan na Banrigh'nn." A reir coltais cha'n

eil thachd sam bith aig Gàidheil an latha 'n diugh 'san arm, agus, gu dearbh, 's beag an t-ioghnadh; b' olc an duais a fhuair an athraichean air son gach cath a chuir iad as leth Bhreatuinn 'san àm a dh'fhalbh.

'S caochlaideach an t-àite 'n saoghal. Ann an tigh-òsda suarach am Paris, chaochail air an t-seachdain s'a chaidh bean-usal a bha aon uair air aon de na boirionnaich bu mhaisaiche 's bu mheasaile bha 'n cùirt na Spàinne. Bu phiuthar màthar i do rìgh òg na dùthcha sin, ach le i phòsadh fir nach robh cho usal rithe fhéin chuir a càirdean cùl rithe, agus 'nuair a chaochail esan deich bliadhna air ais, bha i air a fàgail 'na bantraich bho chd gun sgillinn ris an t-saoghal aice. Chum i i-fhéin beò air doigh eigin uaithe sin, agus chrìochnaich i a laithean ann an aon de na h-àitean a's bochda tha 'm Paris.

[TD 26]

[Vol. 6. No. 4. p. 2]

NA H-AOIREAN.

(Air a leantuinn.)

Tha mi 'g aideachadh, ma ta, gu bheil an aoir 'n a modh-teagaisg a tha dligheach 'n a h-aite fein, agus a tha, gun amhurus, an uair a tha i air a h-uisneachadh mar is còir dh' i, fìor chumhachdach. O'n a tha cunntas air Litreachas agus air Bardachd againn bha an aoir air a cleachdadh airson teagaisg sluaigh. Ach is ann o na seann Romanaich a fhuair na pobuill a tha nis a lathair na beachdan a tha aca mu thimchioll na gnè bhàrdachd so. Bha dà bhàrd Romanach gu sonruichte ghnathaich an aoir airson teagaisg, agus a ghnathaich i air atharrach doigh. Bho 'n latha-san tha dà sheorsa aoir cumanta 'n ar measg. Tha an dara aon a' sgiursadh uilc: tha an aon eile a' smadadh faoineis. Ach is e an aon chrìoch a tha aca. Firinn ann an cainnt, gloine ann an smuain, ceartas ann an gnìomh, agus maise ann an giulan, is e so crìoch gach teagaisg, agus crìoch gach aoir is airidh air an ainm mar mhodh-teagaisg. Tha an dara seorsa ag amharc air cionta, air foirneart, agus air ain-tighearnas, gu sonruichte ann an ionadaibh arda an t-saoghail; tha am bard a' lasadh an aghaidh an uilc, tha cleachdadh a bhuaidhean uile a chum corruich 'us fearg an t-sluaigh a dhusgadh an aghaidh an uilc agus luchd-deanaimh an uilc, cia b'e co iad. 'S e a run an t-olc agus, ma's eigin e, na ciontaich a sgrios bharr aghaidh na talmhainn. Tha an t-aon eile ag amharc air beachdan, cleachduinean, 'us fasain a tha cumanta 'na latha fein, nach urrainnear a radh gu bheil iad olc, no gu bheil iadsan a tha 'g an leantuinn ciontach no peacach, ach faoin suarach, mi-cheutach. Chi am bard nach e fearg no corruich no fuil a chuireas as d'an leithidean so; ach spìd, tamailt, fanoid. Ach cha 'n 'eil an so ach dà dhoigh a chuirteachadh an aon rùn; dà chungaidh a leigheas dà ghnè tinneis. Feumaidh an lighiche air uairean ball de'n chorp a ghearradh air falbh a chum beatha an duine a shabhaladh. Air uairean eile ni ceirean suarach an gnothuch. Ach

leis an dara doigh cho maith ris an doigh eile is e a run slainte aiseag do'n neach a tha euslan. Air a cheart doigh ma chi am bard a tha gabhail air a bhi leigheas corp an t-sluaigh gu bheil galar basmhor air an siubhal, is e a dhleasdanas cungaidh laidir a chleachdadh; ma's e a bheachd nach 'eil ann ach fòtus faoin a fhuair greim am barr a chraicionn, cha 'n 'eil e dligheach dh'a ach cungaidh lag uisneachadh. Tha e cho fìor mu chaithe-beatha an t-sluaigh agus a tha e mu chorp an duine gur ann le cungaidhean cunnartach a leigheas galair chunnartach.

Cha ruigear leas an aoir a chur ann an rann, ged is ann a mhain an uair a tha i 'n a rann no 'n a h-oran a their sinn aoir rithe anns a' Ghaidhealtachd. Na'm biodh feum a dhearbhadh gu bheil e ceart do neach air uair 's am bith dol a mhagadh no smàdadh neach eile no dol a thoirt masladh no tamailt do shluagh a chum am pilleadh gu slighe na còrach, bhiodh e farasda gu leoir eisempleirean fhaotainn anns an sgriobtur air a' chuis. Cha 'n aithne dhomh aite anns am faighear fearg 'us corruich, tamailt, 'us masladh air a thaomadh a mach air uachdarain agus air sluaigh a chum am pilleadh gu slighe na còrach agus an dleasdanas na's trice agus na's cumhachdaiche na anns na "Faidhean." Agus cha 'n eil mi ro chinnteach gu'm faighear eisempleir air magadh no air fochaid ann an litreachas fo'n ghrein na's fherr na gheibhear anns a' Bhiobull. Tha cuimhne agad an fhreagairt a thug Iob truagh, ann an searbhadas anma, air a thriuir chairdean a bha feuchainn, mar shaoil iadsan, ri ni-eigin de chomh-fhurtachd a thoirt dh'a: "Cha 'n 'eil teagamh nach sibhse an sluagh, agus maille ribhse basaichidh gliocas." Ach tha dà sgeul bheag gu sonruichte a bhitheas ann an cuimhne gach neach, anns a' bheil fochaid air uisneachadh anns a' Bhiobull. An uair a ghabh Elisha os laimh a dhearbhadh do shluagh ana-creideach gu'm b'e an tighearna Dia, ged bha e 'n a aonar an aghaidh ceithir-cheud-gu-leth de fhaidhean Bhaail, agus a dh'aontaich iad le cheile, e fein agus faidhean bhaail, an Dia a fhreagradh le teine, gu'm bitheadh esan 'n a Dhia, tha sinn a' leughadh, an uair nach robh Baal a' toirt freagradh d'a fhaidhean fein: "Agus an uair a bha e mu mheadhon là, rinn Elisha fanoid orra, agus thubhairt e, Eighibh le guth àrd, oir is dia e; an dara cuid tha e beachd-smuaineachadh, no tha e air tòir, no tha e air thurus, no theagamh gu'm bheil e 'na chodal, agus gu'm feumar a dhusgadh." A ris tha sinn a' leughadh mu'n fhaidhe Elisa; "Agus chaidh e suas as a sin gu Betel agus an uair a bha e a' dol suas air an t-slighe, thainig clann bheag a mach as a' bhaile, agus rinn iad fanoid air, agus thubhairt iad ris, gabh suas, fhir mhaoil, gabh suas, fhir mhaoil." Tha againn anns an dà sgeul so cha 'n e mhain eisempleir air fanoid ach eisempleir air àm 'us àite anns an coir agus àm 'us àite anns nach coir fanoid a bhi air a chleachdadh. Tha e air a radh, ach fagaidh mi aig na ministeirean mineachadh na roinne, gu bheil "clann bheag" anns an earrainn so a' ciallacadh gillean òga. Cha 'n 'eil mi a' di-chuimhneachadh gu'm bu duine naomh Elisa. Ach is e an dealachadh gu sonruichte a bu mhiann leam a thoirt fanear gu'm b'e rùn Elisha a bhi pilleadh sluaigh gu firinn, agus gur ann air beachdan a bha air an dearbhadh feallsa a bha e deanamh fanoid. Bha e laghail, ma ta, an t-arm so a chleachdadh a chum inntinn an t-sluaigh a thoirt fo smachd. Ach b'e run na "cloinne bige" tamailt a dheanamh air seann duine airson gu'n

robh a cheann maol, ni nach b'urrainn d'a leasachadh. Ma 's e agus gu'm bu ghillean oga iad a bha airson tamailt a thoirt do'n fhaidh 'n a dhreuchd mar theachdaire o Dhia, bha an cionta gu mor air an-tromachadh; agus an uair a dh'amhairceas sinn air a' pheanas throm a rinneadh orra cha 'n eil e eu-coltach nach ann mar so a bha 'chuis. Ach a dh'aon chuid dheth, bha iad a' cleachdadh fanoid air dhoigh mhi-laghail, a bha toillteanach air peanas.

Saoilidh mi bho eisempleir an sgrìobtuir gu'm faodar a radh gu bheil e ceart an aoir uisneachadh mar mhodh-teasaisg an aghaidh uilc agus luchd-deanamh uilc, an aghaidh bharailean meallta, agus air taobh ceartais 'us firinn; ach 'nach 'eil e ceadaichte dol a dhusgadh fearg no tair sluaigh an aghaidh duine airson failinn no gaoid no uireasbhuidh, 'n a chorp no 'n a inntinn, nach urrainn e fein a leasachadh.

Cha'n 'eil mi smuaineachadh gu'm biodh e freagarrach, agus cha'n e mo rùn, a bhi faotainn coire d'ar baird ged nach faighear iad an comhnuidh a' leantuinn ro dhlù eisempleir a' Bhiobuill. Faodar a bhi cinnteach gu bheil iad ceart an uair a leanas iad an eisempleir so; ach cha'n urrainn sinn a bhi cho chinnteach gu bheil iad cearr an uair nach lean. Ma mholas iad an ni no an neach a tha an sgrìobtur a' diteadh, no ma diteas iad an ni no an neach a tha an sgrìobtur a' moladh, tha na baird, agus cha'n e iadsan a mhain ach gach neach, a' deanamh cli. Ach far nach 'eil am Biobull a' toirt seachad teagasg soilleir air a' chuis, agus saoilidh mi gu'n aidich gach neach gu bheil roinn d'ar caithe-beatha a tha air fhagail ann an tomhas mor fo riaghladh air coguis fein, cha'n 'eil mi meas gu'm biodh e freagarrach air aon chor gu'm bi thusa no mise a' feuchainn ri bhi cur ar barail fein mar chuing air inntinnean dhaoine eile. Agus cha bu mhaith leam gu'm biodh aon againn a' diultadh d'ar Baird Ghaidhealach na saorsa, 'n an steigh agus 'n an cainnt, a tha air a cheadachadh do na baird, gu sonruichte 'n an aoirean, ann an rioghachdan agus ann an canainean eile. Mhi-bhuilich na baird, gu tric, na buidhean luachmhor a bhuineadh dhoibh, agus cha'n 'eil teagamh agam nach do mheall iad, le'n aoirean, iomadh uair an slugh a chuir earbsa asda airson teagasg fallain; ach air an laimh eile bha agus tha an teagasg agus an eisempleir, thar cheann, a chum maith an t-sluaigh. Ma dh'fhaodte nach do ghleidh na baird an comhnuidh air chuimhne gu bheil "àm gu bhi tosdach" ann cho maith ri "àm gu labhairt;" ach tha mi meas gur e is fearr do'n t-saoghal gu'n do labhair iad an uair a bu choir dhoibh a bhi tosdach na na'm biodh iad tosdach an uair a bu choir dhoibh labhairt.

Tha aon ni gu sonruichte nach còir dhuinn a dhi-chuimhneachadh. Ma tha rùn a' bhaird maith agus ma tha brìgh a theagasg fallain, is gann is urrainn dhuinn, saoilidh mi, tuillidh 'sa chòir de shaorsa a thoirt dh'a ann an cur a rùn an ceill. Is ann le aon mheidh a bu mhaith leam a bhi tomhas teagasg na h-aoir, agus le meidh tur-dhealaichte a bu mhaith leam a bhi tomhas rann agus cainnt a' bhaird. Tha e ceart gu

leoir dhuit-sa agus dhomh-sa a bhi toirt breith air gnè theagaisg aoir no laoidh no searmoin ma's e sin ar miann, agus faodaidh sinn gun naire ar barail a chur fa chomhair an t-saoghail, ma dhearbhas sinn gur fiach ar barail eisdeachd rithe. Feudaidh e bhi gur ann dhuit-sa is feaar a thig e dol a thoirt barail air na cuisibh so na do'n bhard fein. Feudaidh do bheachd mu thimchioll fìor leas sluaigh a bhi na's cothromaiche na beachd a' bhaire; agus feudaidh t-eolas a bhi na's farsuing agus na's freagarraiche airson breith a thoirt air fallaineachd no mi-fhallaineachd teagaisg. Ach is dòcha, ma's airidh am bard air an ainm, gur e a bharaill-san is cothromaiche air co an rann agus a' chainnt is freagarraiche airson a smuain fein a chur an ceill. Agus gu sonruichte tha e fìor fheumail a chuimhneachadh', an uair a bhitheas sinn a' beachdachadh air meur d'ar bardachd rè iomadh linn d'ar n-eachdraidh, gu bheil sinn uile ro dheas gu bhi gabhail, fasan agus cleachduin ar latha fein mar riaghailt airson a bhi sonruchadh cìod a tha ceart agus freagarrach ann an rann agus gu h-àraid ann an cainnt am measg ghinealach agus linntean a bha ann an iomadh doigh dealaichte bhuainn. Tha na laghannan a tha sonruchadh fallaineachd no mi-fhallaineachd teagaisg soilleir, seasmhach, buan. Ach cha'n urrainnear so a radh mu na laghannan a tha sonruchadh freagarrachd no mi-fhreagarrachd cainnt. Tha so fìor ann an doigh ro shonruichte mu thimchioll Ghaidheal na h-Alba. Cha robh leabhraichean ro shiubhlach 'n am measg a ghleidheadh ceangal eadar sgìreachd agus sgìreachd no eadar ginealach agus ginealach. 'Se eisempleir do sgìreachd agus do latha fein is riaghailt dhuit airson snas agus cubhaidheachd do chainnt. Bho chionn leth-cheud bliadhna, air Galldachd agus air Gaidhealtachd, bha doigh chainnt air a ghnathachadh ris nach eisdeamaid an diugh le tlachd; agus an diugh fein cluinnidh sinn ann an aon sgìreachd comhradh nach fuilingear ann an sgìreachd eile. Tha modh agus gloine ann an cainnt feumail agus dlù air cho ionmholta ri fìrinn ann an teagasg, no ri ceartas ann an gnìomh. Ach tha fìrinn ann an teagasg agus ceartas ann an gnìomh 'n an dearbhadh moran na's carbsaiche air staid a' chridhe na tha a' chainnt a chunntas tusa salach no mi-mhodhail, ach a shaoileas mise a tha glan agus modhail gu leoir. "An ni a thig a mach as a' bheul, is e so a shalaicheas an duine," ach gu sonruichte an uair a tha e "a' teachd o'n chridhe."

Is mithich fheoraich cìamar a dh' uisnich na Gaidheil anns an rioghachd so an aoir. Tha e coltach gu'n robh a ghnè bhardachd cumanta 'n am measg o shean. Tha Eireannach foghlumte ag innseadh dhuinn gu'n robh e 'n a chleachduin aig na baird a bhi seinn rannan eisgeil le deasghnathanna sonruichte d'an d'thug iad mar ainm Glam Dichinn, agus gu'n robh cumhachd no buaidh anns an ni so a thogadh léus no guirean air an aodann. Cho fad agus is aithne dhomh cha'n 'eil iomradh earbsach againn air cleachduin de'n t-seorsa so a bhi air a leantuinn ann an Albainn. Cha mho a gheibhear an aoir air a h-uisneachadh mar mhodh-teagaisg anns a' bhardachd Oiseinich, ged a chithear air uairean an spiorad a tha toirt beatha do'n aoir anns a' bhardachd sin, agus gu sonruichte anns na sean-fhocail. Ach tha aobhar no dhà againn gu bhi creidsinn, ged nach do ghleidheadh air

chuimhne na seann aoirean 'n ar duthaich, gu'n robh an aoir o shean cumanta am measg ar sluaigh.

A dh'aon ni cha'n 'eil, ma dh' fhaodte, meur d'ar bardachd is usa a' leigeadh ar dichuimhne na an aoir. Feudaidh e bhi gu bheil e fior, mar thuir am bard sasunnach, gu mair an t-olc a ni daoine beo 'n an deigh, agus gu bheil sinn teom air a' mhaith a ni iad a chur anns a ùir le'n cnamhan; ach tha mi meas, 'n ar measg-ne co-dhiu, gu bheil ar cuimhne na's fearr air deagh ghnìomhan na tha i air droch ghnìomhan dhaoine. Tha mi de'n bharrail gu'n dearbh ar bardachd cho fad agus a tha cunntas earbsach againn mu deidhinn gu bheil ar corruich cho maith ri ar gaol teth; ach saoilidh mi gu'n gabh e deerbhadh mar an ceudna, agus is feart cliuiteach so 'n ar sluaigh nach bu choir a dhi-chuimhneachadh, gu bheil ar gaol cho buan agus a tha ar corruich cho diombuan. An aite a bhi sgrìobhadh easuntois ar daoine ann an umha agus an deadh-bheusan ann an uisge, is ann a tha e fior mu Ghaidheil na h-Alba gu'n sgrìobh sinn an cliù le peann iarunn anns a' chraig, agus am mi-chliu le ar meur anns a' ghaineamh. Tha am bard anns an aoir a' buntainn a mhain ri nithean agus cuisean a latha fein. 'S e a rùn a bhi diteadh dhaoine a tha deanamh cli, no bhi 'caineadh agus a' fanoid air cleachduinean nach cord ris. Cha'n amhairc e air ais air eachdraidh a' shluaigh ach airson eisempleir no coimeas agus is gann a dh'amhairceas e idir air thoiseach air. An uair a shiubhlas an t-eucorach no a theid a' chleachduin á fasan is gann a bhitheas moran miagh air an aoir a rinn am bard mu'n deidhinn. Is leoir dhuit a ghleidheadh air chuimhne mar a dh' aoireas baird do latha fein eucoraich agus cleachduinean mi-cheutach do latha fein. Tha e soilleir mar so, mur teid an aoir a sgrìobhadh, gur e is docha nach gleidhear air chuimhne i. Agus ma tha e fior, mar thuir mi cheana, gu bheil na Gaidheal ann an doigh ro shonruichte deat gu euceartan dhaoine a leigeadh as an cuimhne, faodar a thuigsinn ged biodh aoirean cumanta gu leoir o shean nach biodh moran diubh air faotainn an diugh.

Agus tha an dearbhadh na's laidire gu'n robh an aoir cumanta o shean ged tha i nis air chall ma bheir sinn fanear gu faighear brìgh na h-aoir 'n ar seann litreachas gu sonruichte anns na sean-fhocaill agus anns na sgeulachdan. A rìs anns a' cheud chunntas earbsach a tha againn mu'n bhardachd a bha siubhlach am beul an t-sluaigh, gheibhear an aoir 'n a lan neart. Anns a bhardachd Oiseinich, cia air bith mar ghleidheadh air chuimhne e, no cia b'e a' cheud duine a sgrìobh i mar tha i againne, cha'n fhaighear ach roinn de'n bhardachd a bha siubhlach am measg ar sluaigh, ged is e sin an roinn a b'airde, agus a bu chliuitiche. Is ann an leabhar Deadhan Lis-mhoir a gheibh sinn a cheud chunntas earbsach air gach gné bhardachd anns an robh Gaidheil a' faotainn toilinntinn. Sgrìobh an duine so a sios a' bhardachd a fhuair e ann am beul dhaoine 'n a latha fein. Chaidh an leabhar a sgrìobhadh o chionn tri-cheud-gu-leth bliadhna. Cha'n 'eil teagamh nach do rinneadh moran de'n bhardachd a tha anns an leabhar iomadh bliadhna roimhe sin; ach tha an cruinneachadh so'n a dhearbhadh cho firinneach air a ghné bhardachd a bha siubhlach am measg Gaidheal an là ud anns na crìochan anns an robh MacGriogair a chomhnuidh agus a tha "An t-Oranaiche" a chuir Mac-na-Ceardadh a mach ann an Glascho 'n a dhearbhadh air na h-orain a tha miaghail

aig luchd-seinn ar latha-ne. Cuid de na h-orain so rinneadh o chionn corr agus ceud bliadhna; cuid eile rinneadh o chionn latha no dhà. Cha'n innis "An t-Oranaiche," ma dh'fhaodte c'uin a rinneadh na h-orain; ach bithidh an leabhar 'n a dhearbhadh do gach linn air na h-orain is siubhlaiche an diugh, agus is airidh, ann am beachd Mhic-na-Ceardadh, air an gleidheadh air chuimhne. Air a cheart doigh cha'n innis leabhar deadhan lis-mhoir c'uin a rinneadh a' bhardachd a gheibhear ann; ach tha e 'n a dhearbhadh air a ghnè bhardachd a bu chumanta a fhuair MacGriogair am beul an t-sluaigh, agus a b'airidh 'n a bheachd-san air a sgrìobhadh ann an leabhar.

(Ri leantuinn.)

Mu Chalum Cille.

EARRANN II.

Ann an Eachdraidh Chalum-Chille tha sinn a' leughadh gu'n robh e, air mhodh àraidh, misneachail agus làn do eud naomh. 'Nuair a thàinig e nall á Eirinn bha e làn eòlais air gach cunnart agus doilghiodas a bha roimhe; ach cha do tharruing e air ais. Ghuidh e air Dia deich-bliadhna-fichead a chur r'a bheatha, chum saoihtreachadh 'na obair féin; agus bha dòchas aige, trid còmhnaidh an Uile-chumhachdaich, anns an ùine sin gu'm buadhaicheadh e anns na bha 'na bheachd. Bha e comharraichte airson a ghliocais: cha'n fheudar dearbhadh a's làidire a bhi againn air so, na 'n dòigh iongantach air an do choisinn e sìth agus càirdeas nan rìgh uaibhreach, borb, a bha r'a linn; an dòigh san do chum e suas. uachdaranachd thairis air ceudaibh eaglais a bha fo 'riaghladh ann an rìoghachdaibh a bha dealaichte o chéile ann an cainnt agus ann an cleachdadh; mar an ceudna, an

(Air a leantuinn air taobh 30.)

[TD 28]

[Vol. 6. No. 4. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi

an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 28 IULaidh, 1897.

Tha othail mhor anns na stàitean an Iar aig an àm so mu bhi faotainn òir ann an ceann a tuath Alaska. Thatar ag radh gu bheil am miotail phriseil sin anabarrach pailt ann an cearna de Alaska; thainig soitheach gu San Francisco o chionn ghoirid a' giùlan beagan us tri fichead duine a tilleadh dhachadh as, agus bha fiach faisg air da mhuillein dolair aca. Tha an t-àite gle dhuilich a nuigheachd, tha e anabanach fuar 'sa gheamhradh, agus cha'n eil ach tri miosan samhraidh ann. Tha na neanbh-chuileagan nam plàigh uamhasach ann; cha leig iad fois le duine latha no dh'oidhche. Thuirt fear de na daoine gu robh i na dùthaich ghràineil gu bhi innte, ach gu robh i fallain gu leòr. Tha 'n tuarasdal gle mhor, cho ard ri leth-cheud dolair 'san latha, ach tha a' chosgais a reir; cha'n fhaighear barailte flùir na's saoire na ceud dolair. Tha daoine aig 'm bu chòir fios a bhith, ag radh gu'n toirear mu dheich muillein dolair de dh' òr as an aon àite chaidh fhosgladh an taobh a stigh de choig bliadhna.

Cha'n eil sinn a cluinntinn moran mu'n dol air adhart ann an Cuba aig an àm so, ach gu bheil am fiabhrus a toirt air falbh moran de da saighdearan Spainnteach, agus nach eil taobh seach taobh a' faotainn buaidh a's fhiach air an taobh eile. Tha sgeul air tighinn gu bheil ceannard nan ceannairceach an deigh strìochdadh do na Spainntich, ach co-dhiu tha sin fìor gus nach eil, tha e doribh a radh. Tha an cogadh so air leantuinn tuilleadh us fada, agus an deigh call mor a dheanamh, agus b'fhearr gu'n tigeadh crìoch air.

Bha fras bhriagh uisg' againn an so feasgar Dior-daoine. 'Nan robh a leithid air tuiteam air feadh na dùthcha gu leir dheanadh i feum mor, ach bha iomadh àite air nach d' rainig i idir. Anns na Forks, mu cheithir mìle mach as a bhaile cha do shìl boinne uisge. Tha làn àm aig uisge tighinn a nise, oir tha 'n talamh air fas gle thioram.

Sgrìobh duin' àraidh nach dean sinn ainneachadh ugainn o chionn ghoirid ag iarraidh oirnn stad a chur MHIC-TALLA g'a ionnsuidh-san, agus ag iarraidh oirnn innse dha gu de uiread 'sa bh'aige ri phàigheadh dhuinn. "Cha'n eil mi smaoineachadh," ars esan, "gu'n do phàigh mi 'n thòisich mi air a ghabhail coig bliadhn' air ais, ach aon leth-dolar. Tha mi an dòchas gu bheil a' chùis a' soirbheachadh le MAC-TALLA gu math. 's gu bheil saoghal fada roimhe. Is mi do charaid dileas, &c, &c." Nach beag an t-ioghnadh ged a shoirbhicheadh le MAC-TALLA, 's ged a dheanadh am fear a th' air a cheann fhortan. 'N am biodh luchd-leughaidh a phaipeir so air fad cho dileas 's cho dleasannach ris air duine so, nach i Ghàilig a bhiodh suas a' bhruthach!

Tha na fiosan mu dheireadh a thainig a thaobh na Tuirce ag innse gu bheil an Sultan cho rag 'sa bha e riamh, agus a' diùltadh ùmhlachd a thoirt do na rioghachdan mora. Tha e air innse gu bheil Breatunn air son toirt air strìochdadh a dh' aindeoin, ach tha Ruisia an aghaidh sin. Tha an cothrom aig an t-Sultan orra chionn iadsan a bhi air an roinn an aghaidh a chéile. Ach tha sinn a' creidsinn, a dh' aindeoin gach dàil a thatar a' cur 'sa chùis, gu'm faigh ceartas lamh an uachdan air a cheann mu dheireadh. Cho seòlta 's gu bheil an Trucach, agus cho fada 'n aghaidh a chéile 's gu bheil rioghdan eile, cha mhair iad mar sin ach ùine ghoirid.

Bha an taghadh aca ann an Eilean a phrionnsa Di-màirt agus tha na <eng>Liberals<gai> air an cur an dreuchd a rithist, ach cha'n eil àireamh cho mor a bharrachd air càch aca 'sa bh' aca roimhe. Thatar a dheanamh a mach gu'm bi iad eadar seachd us deich na's làidire na na <eng>Conservatives.<gai> Bha muinntir Baile-Shearlot a bhòtadh air an <eng>Scott Act<gai> Dior-daoin, ach cha chuala sinn ciamar a chaidh e.

Reic Dr. Nansen an t-seann deise bha uime nuair a thachair Mr. Jackson air anns an àirde tuath ri <eng>Madame Tussaud<gai> air coig mìle dolair, agus tha i gu bhi air a gleidheadh ann an tigh-ioghnaidh. Anns an t-saoghal a tha 'n so, cha'n eil aig duin' ach a bhi ainmeil, agus gheibh e 'n t-airgead cruaidh air ni sam bith ris an togair e dealachadh.

Cha'n eil dùthaich a's caoimhneile tha déiligeadh ris na moitairan na Austria. Anns na deich bliadhna chaidh seachad, fhuair e ochd ceud duine ciontach de mhòrt anns an dùthaich sin, agus dhe 'n àireamh sin cha deach a chrochadh no chur gu bas ach trì duine fichead.

Thachair sgriorradh uamhasach air rathad-iaruinn ann an Denmark, air an t-seachdain s'a chaidh. Bhual aon sreath de charbadan ann an sreath eile agus chaidh ochd carbadan a chur as a cheile nan spealgan. Bha da fhichead duine air am marbhadh, agus trì fichead air an leòn.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prìsean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
NYANZA, C. B.

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's

Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 29]

[Vol. 6. No. 4. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh Iain Hughes, fear-cumail tigh-òsda ann an <eng>Charlottetown,<gai> a mharbhadh le tuiteam bhar carbaid a sheachdain gu an Di-ciaduin s'a chaidh. Bha e air an daoraich, agus chaidh e á cnàimh na h-amhaich.

Thainig fear Iain Balcham ann an <eng>Charlottetown<gai> ri bheatha fhéin oidhche Di-dònaich s'a chaidh le deoch phuinnsein a ghabhail. Bha aige ri fianuis a thoirt an aghaidh duine a bha 'seasamh cùrtach air son a bhi creic deoch làidir, agus thainig e ri bheatha fhéin air son faighinn cuibhteas sin. Bha e tri fichead bliadhna 'sa deich a dh' aois.

Chaidh seòladair d' am b' ainm <eng>Herbert Hays,<gai> a mhuinntir <eng>Newfoundland,<gai> a chall bhar bord an t-soithich-smùide <eng>"Cape Breton"<gai> air an turus mu dheireadh a rinn i gu Montreal. Bha e tilgeadh a mach luathainn, agus thuit e thairis; chaidh e fodha mu 'n d' fhuairleadh cuideachadh a chur g'a ionnsuidh, agus cha 'n fhacas tuilleadh e.

Fhuairleadh corp duine air an rathad-iaruinn faisg air Montreal air an t-seachdain s'a chaidh, agus e air a phraunadh cho dona 's gu feum gu 'n deachaidh dha no tri charbadan thairis air. Fhuairleadh paipear na phòcaid air an robh <eng>"J. Mc Neil"<gai> sgriobhte, agus tha feadhain dhe 'n bharail gur ann a mhuinntir Cheap Breatunn a bha e.

Bha teas mor aca ann an Lunnainn air an t-seachdain s'a chaidh, teas air 'n do chuir iad uidhreachd mhor ged nach robh e ri choimeas ri teas na dùthcha so. Am feadh 'sa bha muinntir a bhaile a gearan air an teas, bha muinntir nan Stàitean a chaidh a null gus an samhradh a chur seachad, a sior mholadh cho fionnar 'sa bha 'n t-side.

Chaidh càraid a phòsadh o chionn ghoirid, agus iad còrr us tri mile de mhiltean o cheile. Bha fear na bainnse ann am Pretoria, an ceann a deas <eng>Africa<gai>, agus bean na bainnse ann am bail' Amsterdam, 's an Ollaint. Chaidh am pòsadh a dheanamh le fiosan a chur air ais 's air adhart air an <eng>telegraph,<gai> agus a reir lagh nan Dùitseach, tha e cheart cho laghail 's ged a bhiodh a' chàraid òg taobh ri taobh.

Tha aig iasgach nan giomach ri stad Di-satharna; sin an latha air am bheil an lagh ag òrduchadh leigeil leis a ghiomach fuireach na dhachaidh fhéin gun dragh sam bith a bhi air a chur air. Bha an t-

iasgach air an t-samhradh so na b' fhaid' air ais na b' àbhaist dhi bhi; bha barrachd dhaoine ris an obair, agus cha do ghlac iad thar a chéile uiread 'sa b' àbhaist a bhi air an glacadh bliadhnaichean roimhe so.

Chaidh àireamh de na soithichean-smùide tha giùlan guail gu Montreal air an t-samhradh so, air tir 'san amhuinn <eng>St. Lawrence.<gai> Chaidh té no dha dhe na <eng>Turrets<gai> air grunn o chionn mios no dha air ais, agus air an t-seachdain s'a chaidh, chaidh soitheach eile, an <eng>Tyr<gai> air grunn, ach fhuair a toirt dheth gun chall sam bith. Feumaidh gu bheil rud-eigin cearr, nuair a tha sgiorraidhean dhe 'n t-seors' ud a' tachairt. Mur eil an amhuinn cunnartach, cha 'n eil an luchd-iùil cho math air cheann an gnothuich 's bu chòir dhaibh a bhi.

Tha stampaichean na h-Iubili a' cur mu mhuillein dolar a stigh do ionmhas Chanada nach rachadh ann mur bitheadh iad. Tha daoine cho deigheil air am faotainn 's gu bheil iad 'gan gleidheadh gun an cur am feum idir. Mar sin tha na seann stampaichean 'gan cur am feum mar a b' àbhaist, agus tha Riaghladh na dùthcha a' deanamh airgeid. Tha cuid de na stampaichean air fàs gle dhaor; tha té nan ochd sentichean a' creic an àiteachan air da dholair, agus ma chreidear na their cuid bidh a' phris cho àrd ri coig dolair an ùine gun bhi fada.

Bha an t-side anabarrach teth air an t-seachdain so, ach o'n bha sinn cho fada feitheamh ris a' bhlàths, cha chòir dhuinn a bhi 'gearan o'n thainig e.

Fhuair a cuirp nan daoine chaidh a bhàthadh ann an Glace Bay air a' 21 latha de 'n mhios a dh' fhalbh. Thainig corp Churtis gu tir Di-satharna s'a chaidh, agus fhuair a corp Umlah ann an lion 'sa mhaduinn Di-màirt.

O chionn treis a dh' ùine air ais, bha na bancaichean a' toirt coig sentichean bhar an dolair de dh' airgead nan Stàitean. Tha iad a nise 'n deigh a chur mar a bha e roimhe, agus cha 'n eil iad a toirt bhar an dolair ach aon sent.

Tha moran sluaigh a' dol air ais 's air adhart air lochan a Bhras d' Oir. Bha ceithir fichead 'sa coig air a' Mharion a' tigh'nn a stigh feasgar Di-màirt s'a chaidh. Bha 'chuid mhor dhiubh a mhuinntir nan Stàitean agus nam mor-roinnean uachdrach.

Bha 'n Comanachadh aig Drochaid an Aiseig, am Mira, la na Sàbaid s'a chaidh; bha dòrlach math sluaigh cruinn, ach cha robh uiread 'sa b' àbhaist a bhi ann. Bi'dh 'n Comanachadh an <eng>Leitche's Creek<gai> la na Sabaid s'a tighinn, 's an t-Urr. Uilleam Calder air ceann na seirbheis.

Tha mèinn a' Reserve ag obair gu bras air an t-samhradh so, agus tha àireamh de na mèinnean eile mar sin cuideachd, ach tha sinn duilich a chluinntinn nach eil mèinn Ghowrie ach gann ag obair idir. Air a mhios s'a dh' fhalbh cha do dh' oibrich i ach ochd latha. Cha 'n eil

sin ach bochd dhaibh-san a tha 'n taice rithe air son am beò-laind.

Iadsan a Phaigh.

An t-Urr. Coinneach Mac Coinnich, <eng>Halifax, N. S.<gai>
Alasdair Domhnullach, Braigh na h-Aimhne Deas.
An t-Urr. A. Mac Gillebhràth, <eng>Lismore, N. S.<gai>
Iain Domhnullach, <eng>Antigonish, N. S.<gai>
An t-Urr. Calum Caimbeul, Strathalba, E. P. I.
An t-Urr. Niall Mac-na-h-Innse, <eng>Cornwall, Ont.<gai>
Tormaid K. Mac Leoid, Dunbheagain, (\$2.) Ont.
Iain D. Mac Ille-mhaoil, Dunbheagain, (\$2.) Ont.
Eachunn Mac Fhionghain, <eng>Priceville, Ont.<gai>
R. I. Grand, Gleann Chashion, Ont.
<eng>C. L Lister, Rat Portage, (25c.) Ont.<gai>
Murchadh Mac-an-t-Saoir, <eng>Gaylord, Mont.<gai>
R. I. Mac Eachuinn, <eng>Newton Centre, Mass.<gai>
Domhnull Mac Leoid, <eng>Detroit, Mich.<gai>
Iain F. Smith, <eng>Quesnelle, B. C.<gai>
Dr. D. H. Domhnullach, <eng>Welsford, N. B.<gai>
Domhnull Mac Amhlaidh, Mèinn a <eng>Reserve.<gai>
Iain Stiùbhart, Gleann a' Phiobaire.
Padruig Mac Fhionghain, <eng>New Canada.<gai>
Domhnull Mac-a-Phearsain, <eng>Narrows<gai> Mhora.
A. R. Domhnullach (gobha), <eng>Baddeck.<gai> \$2.00
Eos. Domhnullach, Rathad nam Frangach.
Aonghas Moireastan, <eng>Marsh Lake.<gai>
An Siorram Buchanan, Sidni.
Tormaid Domhnullach, Sidni.
Uisdean Gillios, Braigh Mhargaree.
Cairistiona Chaimbeul, Cladach-a-Tuath.
M. R. Mac Aonghais, <eng>Amaguadus Pond, 50c<gai>
Seumas R. Dughlach, Sidni. 50c
Mairi Cheanadach, Alba, 50c
Padruig Mac Raing, Mabou. 35c

Ma rinn sinn dearmad air neach sam bith cuireadh e fios ugainn gu 'n dàil. Tha da reusan againn air a bhi cur nan ainmean anns a phaipear o àm gu àm:-(1) air son gu 'm bi fios aig gach neach a phàigh gu 'n d' fhuair e creideas, agus (2) air son gu 'm bi fios aig na h-uile tha leughadh a phaipeir co tha 'ga phàigheadh.

BAS.

Aig <eng>Kempt Road,<gai> air an naodhamh latha fichead de dh' Iun, Mairearad, bean ghràdhach Raonuill Dhomhnullaich, tri fichead bliadhna 'sa sia a dh' aois.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35
Orain Iain Luim .35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte. Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

CARADH
Uaireadairean
Glanadh,
\$0.50
<eng>Mainspring,<gai>
.60
An da chuid,
1.00
<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.
<eng>Baddeck, C. B.<gai>

NUAIR THEID THU 'BHADECK
taghail an stor
<eng>Albert I. Hart.<gai>
Tha Stor mor aige dhe na h uile seorsa bathair.
Bathar Tioram Bathar Cruaidh
Amhlan, Aodaichean, Caiseart,
Adan, Curraichean, agus iomadh ni eile.
An seorsa 's fhearr 's a' phris a's isle.
<eng>ALBERT I. HART.
Baddeck, Aug. 1, '90.<gai>

NIALL DOMHNULLACH,
CEANNAICHE.
Ti, Siucar, Amhlan, Milseanan, &c.
Leabhraichean Gailig dhe gach seorsa.
Mu choinneamh Tigh-Osda Dhunlap.
<eng>BADDECK, C. B.<gai>
Tha e na fhear-gnothuich do'n. MHAC-TALLA, agus faodar pris a
phaipear, agus ainmean luchd ghabhail thoirt dha.

CUIR A DH' IARRAIDH A MHAC-TALLA
\$1.00 SA BHLIADHNA.

[TD 30]

[Vol. 6. No. 4. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 27.)

dòigh anns an d' araich e a liuthad òigridh, a thàinig a ghabhail fòghlum fodha; agus am modh anns an do thagh e aodhairean airson a liuthad eaglais 'sa bha 'n earbsa ris. Cha 'n ann gun ghliocas mòr a bha so r'a dheanamh, air dòigh a chosnadh meas agus urram dha o gach tìr, a bha meudachadh fhad 's bu bheò e.

Leis gach buaidh eile, tha e air 'innseadh dhuinn, gu'n robh aige cruth àrd dreachmhor; aghaidh shuilbhearra, thaitneach; guth smachdail cumhachdach, a b' urrainn da air uairibh a thogail mar thoirm tàirneanaich; tha Abdomnan ag aithris, ann an eachdraidh a bheatha, gu 'n cluinnt' e gu soilleir dlùth do mhìl' air astar a' seinn shalm.

Ach 's ann airson a chràbhaidh, agus a dhiadhachd a bha 'n duin' ainmeil so co comharraichte. 'Na uile chainnt, agus 'na ghiùlan gu léir bha'n spiorad so an uachdar.

Ghiùlain e air 'inntinn, anns gach còmhdhail agus anns gach àm, mothachadh daingeann beò air gnàth-làthaireachd agus sùil-choimhead an Tighearna. "An àill leat," arsa Coibhi, an t-àrd-Dhruidh, ris air còmhdhail àraidh, "seòladh am màireach?"—"Air an treas là," fhreagair Calum, "ma 's deònach le Dia, 's gu'm bi mi beò."—"Cha 'n urrainn duit," a deir an Druidh; "bheir mis' air an stoirm éiridh, agus air a' ghaoith séideadh ann ad aghaidh; sgaoilidh mi ceò agus dorchadas mu'n cuairt duit." Fhreagair an duine naomh e, "Tha 'na h uile ni fo smachd an Uile-chumhachdaich; 'na ainm-san tha mi gabhail gach ni os làimh; fo stiùradh a fhreasdail théid mi mach, 's cha bhi eagal orm."

Bha spiorad na diadhachd r'a fhaicinn 'na uile ghiùlan; Bha 'bheatha air a caitheamh ann an ùrnuigh agus ann am moladh; moch agus anmoch, ge b'e àit am bitheadh e, cha do leig e aon là seachad gun ùrnuigh fhollaiseach a chur suas, am measg naimhdean, luchd-fochaid agus magaidh, bhuadhaich e sa' chleachdadh so. 'Nuair nach robh fardoch os a cheann, no fasgadh thairis air ghlòraich esan Dia le aoradh riaghailteach agus follaiseach. A bhàrr air so, bha àmanna àraidh aige airson ùrnuigh dhìomhair 'na sheòmar féin agus 'na eaglais féin. Ann lagan uaigneach, ann an sàmhchair na h-oidhche, 's gach aon mu'n cuairt da 'nan suain, b' àbhaist dhà-san 'anam a dhòrtadh a mach ann an ùrnuigh do'n Dia a chruthaich e. Tha aon àit ann an eilean I far am bu ghnàth do'n duine naomh so mòran d'a ùine a chaitheamh ann an co'-chomunn ri 'Dhia agus ri 'Shlànuighear. Tha 'n t-àit air a chomharrachadh gus an là 'n diugh fo 'n ainm Cnoc-nan-aingeal; a thaobh na barail a bh' aig daoineibh air a 'chuideachd ghlòrmhor a bha 'g iathadh mu 'thimchioll air na h-àmannaibh naomha sin. Cha do ghabh e riamh ni air bith os làimh, agus cha do thòisich

e air obair sam bith, gus 'n do ghuidh e air tùs soirbheachadh o Dhia. Mun rachadh e stigh 'na charbad beag, dh' asluicheadh e beannachd an Ti sin a b' urrainn a chumail o thuisleadh. Ma chaidh bainne na buaile seachad air gach là, cha deach e riamh seachad air gun a bheannachadh. 'Nuair chitheadh e 'n t-ARBHAR a' teachd fo dhéis, "Gu ma beannuichte," theireadh esan, "gu'n robh Dia airson a mhaitheis." Ge b'e àird as an séideadh a' ghaoth bha esan taingeil; oir bha caraid éigin 'na bheachd do'n robh i freagarrach. Cha deachaidh e riamh a stigh a dh' amharc caraid caoimh nach bi haleluia a cheud fhàilte; agus bha cuirm spioradail aig 'anam mun d'fhuair a cholann lòn. Tha e againn uime ann an eachdraidh, gu'n deachaidh e, air àm àraidh, a dh' amharc an naoimh urramaich sin Centigern, a bha chòmhnuidh san àite sin far am bheil baile-mòr Ghlaschu air a thogail. 'Nuair a dhlùthaich e air an tigh san robh na manaich a chòmhnuidh, chaidh iad uile mach g'a choinneachadh le laoidhibh naomha, agus thàinig esan 's a chàirdean air an aghaidh a' seinn haleluia bhinn. An ìoghnadh ged a chinn obair an Tighearna ann an làimh an duine so, a bha co dùrachdach, eudmhor, seasmhach ann an ùrnuigh. Do 'n fhear-theagaisg a tha mar so a' caitheamh a làithean tha gach nì comasach.

(Ri leantuinn.)

ELIAH.

Gu fanoideach agus gu taireil tha 'n Tisbitheach aig àm bheil fios air crìoch na stri air mullach Chairmeil, a' comhairleachadh nam faidhean breugach a tha cheana airsneulach leis gach oidheirp a rinn iad. Tha e feargach agus doilghiosach aig a' cheart àm. Tha e feargach do bhrìgh gu bheil slugh Israeil aig an robh eolas 'us oilein a b' fhearr, air an tarruing a thaobh le mealltaireach truailleidh nan cinneach. Tha e feargach do bhrìgh gu bheil an slugh a' tabhairt do Bhaail an t-aoradh agus am moladh a bhuineas do Dhia a mhain. Tha 'm faidh doilghiosach, oir tha àireamh co mor a' cathachadh an aghaidh an De ghloirmhoir a tha 'mhain o shiorruidheachd gu shiorruidheachd. Tha e doilghiosach gu bheil aineolas co tiugh, co muladach agus co marbh a' dorchachadh inntinnean 'us coguisean nam faidhean. Is ionann a tha faireachduinnean gach cridhe dirich a tha air a chuartachadh le mi-naomhachd 'us le ana-measarachd.

Innleachdan 'us creuchdan 'us gairm nam faidhean, cha'n eil stath no tabhachd annta Tha neoil an anmoich gu luath ag iadhadh mu 'n cuairt, agus tha 'n duine molach aiginneach an Tisbitheach 'ga chrìoslachadh fein airson a' ghnìomh ghaisgeil a tha e dol a dheanamh. An deigh do fheoil an tairbh oig a bhi air a deasachadh, an connadh air a chur an uidheam, agus a' chlais mu 'n cuairt air a lionadh le pailteas uisge, tha 'm faidh a' deanamh urnuigh ris an Dia 's Tighearn ann; agus ann an uine ghearr tha teine bho nèamh a' losgadh suas gach nì a tha mu 'n altair agus eadhon ag imlich an uisge 'tha anns a' chlais. Tha 'n sealladh mor so 'giulan cuimhne 'n t-sluaigh a tha 'g amharc air, a dh' ionnsuidh an àm 's an robh iad aineolach air cuilbheartan Bhaail agus fhaidhean. Tha agartas trom

ag eiridh suas an taobh stigh dhiu, airson nan gnìomharan amaideach a rinn iad. Tha iad a' tuiteam air an aghaidh agus ag eigheach a mach: Is e 'n Tighearna fein a's Dia ann! Is e 'n Tighearna fein a's Dia ann! Thug an Tighearna buaidh a mach gu glormhor. Rinneadh a dheas-lamh glormhor ann an cumhachd. Ann am meud oirdheirceis chlaoidh E Ahab agus iadsan a dh-éirich suas maille ris an rìgh bhochd sin. Chuir an Tighearna 'mach fhearg, agus loisg E suas comhairle 's cleachduinn nam faidhean breugach mar asbhuaibh. Bhuadhaich Elisha a sheas 'n a aonar ann an og-mhaduinn an latha air sliabh Chairmeil as leth gloir 'us moralachd an Tighearna. Anns an anmoch, cha'n eil cridhe am measg an t-sluaigh a tha 'comhdach na beinne, co curanta, calma, làidir, aghartach, ri cridhe 'n fhàidh. Bho 'n t-sealladh àrd uamhasach a chunnaic iad, tha 'n sluagh truagh a' faicinn cia mar bha iad air am mealladh, cia co an-diadhaidh agus olc a bha 'n caithe-beatha, am feadh a bha iad a sleuchadh gu h-ìosal 'us gu maslach do dhiathan a dhealbhadh le lamhan dhaoine. Aig iarrtus teann Elisha, tha greim air a dheanamh air fàidhean Bhaail uile-air a cheithir cheud 's an leth-cheud.

Tamull beag roimhe so, bha iad lan misuich, 'us pròis us dòchais. A nis tha iad gun dreach, gun tuar, gun treòir. Coimhich us coigrich a tha araon annta fein, agus 'n am beachdan. Thruail iad oighreachd an Tighearna. Mhaslaich iad ainm naomha-san. Air an aobhsr sin, cha teid duine dhiu as.

Le torman ciùin tha sruth Chisìon a' siubhal seachad air sliabh Chairmeil. A dh' ionnsuidh bruaich na h-aibhne so, tha feachd Bhaail air an tarruing, agus an so tha iad air am marbhadh. Tha amhuinn Chisìon ag imeachd sìos, 'us i air fàs dearg 's air a truailleadh le fuil nam faidhean a thruaill an tìr gu léir. Air feadh gach linn 'us ial theid iomradh a dheanamh air buaidh Chairmeil, air treòir 'us treubhantas Elisha, air mòrachd 'us neart 'us glòir an Dé is Tighearna ann, 's air an aoradh 's air an t-seirbheis dhìleas a's còir do gach neach 'us fine 'thabhairt Dhasan a mhàin, am feadh a bhios grian 'us gealach ann.

CONA.

Atharrachadh Cainnte.

"Ann an Ceann-tìre, 's e groib a their iad ri h-ine, biorach ri gamhuinn, cuinneag-mhaistrìdh ri muidhe, agus boch ri bàthaich. 'S e càr a their iad ri càrn-slaoid, coibe ri spaid, madhalt ri sgùilean, bodhtradh ri buarach, sugan ri sioman, agus màtad ri croman-dùin. Their iad eun ri ian, deur ri diar, lòch ri loch, agus deòca ri deoch. Ri dìonas creagach ann am bruaich uillt, far am

[TD 31]

[Vol. 6. No. 4. p. 7]

bi togail 'g a deanamh 'an ceilt, their iad tur.—Their iad cudainn

ri tuba no ballan, rathad Ionbharnis; ach 's e ciut a their muinntir Chinn-tìre rithe. Their cuid molt ri mult, balt ri bolt, cos ri cas, corc ri coirce, earna ri eòrna, agus steòll ri steall.

"Ri blòth garbh their iad romach, mu dheas oirnn.—Mu thuath their iad ris a' bhruinn-deargan pigidh; their sinn féin biaidh ri èun sam bith. 'S e stuaididh a their iad 'an Uidhist ri stìdidh.—Ann an Arasaig their iad Tòmas ri Tomás, agus thà à 'an àite thà è. Ann an Siorrachd Rois, theireadh iad—'Am pac thu 'm piocaid a'm?' an àite mar a their sinne—'Am fache thu 'phiocaid agam?'—agus Du'ic—aoi—'an àite Dùthaich—Mhic—Aoidh.—Ann an Aruinn their iad an treigh ris an tràigh, an spèin ris an spàin, agus am bweta ris a' bhàta. Tha cuid againn fein a their mar seo, metheir ri ri màthair, agus spein ri spàin.—Rathad Urchaduinn their iad cheana no chean ri 'gu dearbh.' Mu Ionbhar—aora their iad 'mo chriosan' ri pàisde ris am bi iad ri beadradh, an àite (mar theireadhmaide) mo cheist, mo rùn, no mo laogh thu.—Ann an Caolasaid their iad bhitheabh e, 'an àite bhitheadh e, na'm buaileabh e mi, 'an àite na'm buaieadh.

Ann am Bràighe Lochabar their iad lùgh, frùch, cùl, sùthal, ùl, ri laogh, fraoch, caol, saoghal, aol; agus tha cuid de mhuinntir Lochabar a their mùdal ri maodal, agus dorust, solust, brist, 'an àite dorus, solus, bris. Tha seo uile glé neònach; ach nach eil e dìreach cho iongantach Peadal a ràdh ri Peadar, Pòl, ri Pàl, agus Saul ri Sàl—iuntas ri ioghantas, cearchd ri cearc, bràch ri bràth, maich ri maith, agus an taol'us tigh dhìom, 'an àit an taobh a's tigh dhìom, &c.? Dh' fhaodainn leabhar gàbhaidh a sgrìobhadh mu'n chùis seo, na'm biodh duin' ann aig am biodh làn-eòlas, pailteas ùine, agus na bu leòr de dh-airgiod gus a chur a mach a nasgaidh.

Tha mòran fhacal anns a' Ghàidhlig a ghabh i an iasad; mar a ta inid, caileadairachd, combaist, speuclair, eiseimpleir, caiptin, eirneal, sgipeir drong, minister, sagart, truinnseir, clarc, simileir, salm, tiompan, trompaid, oifrin, ifrin, aingeal, deomhan, diabhol, paidhir, boid, bola, brot, briuthas, cìbear, calluinn, fùdar, pùthar, closaid, pàilliun, caibideal, &c.

Tha mòran de bhun-fhacail na cainnte air dol á cleachdadh; ach faodar fathast am brìgh a lorgachadh suas o'n t-sliochd a rinn tàrmach uapa, mar seo; eir (cearc); pis (cat); cuil (piast); aigle (àille); cait (driuch); fait (sgàth); frog, forg, subh (sunnd); ciom (bruid); driong (fuaim bhrònach fhann); beairt (maoin); gread (treis), &c. Mìnichidh an sìol seo brìgh an sìnsir; eireag, piseag, cuileag, aiglean, caitean, faiteach, frogan, forgan, subhach, ciomach, drìongan beairteach, greadan, &c."—An Treoiriche.

Tha sinagog Iudhach ann an <eng>St. Louis, Mo,<gai> agus tha còisir-chiùil innte anns nach eil aon seinneadair Iudhach; is Criosduidhean iad uile.

As an Iar—Thuath.

FHIR-DHEASACHAIDH:—’S fhada bho nach fhaca mi guth as an Iar–Thuath no á Manitoba na’r paipear; bha ’ur sgrìobhadairean á Manitoba gle ghearaineach air fuachd a gheamhraidh sa chaidh, mar a dh’ fhaodamaid a bhi uile, ach tha mi ’n dòchas nach do reothadh am meòrain gu h–àraid an fheadhain a bhiodh a stuireadh a phinn.

A thaobh coltas an Iar–Thuath aig an am, bha ’n t-side ’cumail gu math tioram deireadh an earraich ’s a chiad chuid de ’n t–samhradh; bha aogas nan tuathanach gu math duaichnidh re an ama sin, mar gu’m biodh iad diombach ri cléireach na sìde, ach bho’n àm sin thainig uisge ’us gu leòr dheth a thug a mach gach pòr gu math, agus a thug fiamh taitneach gu h–àraid air aghaidhean a luchd àiteachaidh, ’s tha iad réidh gu leòr ris a chléireach aig an àm seo, ’g òl a dheoch–slàinte gu subhach ’s ag iarraidh air anail a leigeil car tacain.

Tha mi toilichte gu bheil MAC–TALLA a fàs na’s pailte ’n taobh seo ’s am Manitoba, ged a tha gu leor fhathast as aonais a leughas Gailig gle mhath. Bha Calum Dughalach ag ràdh rium an latha roimhe gu’n robh e dol a chur bilag bhòidheach uaine g’ar n–ionnsuidh an uine gun a bhi fada airson bliadhna dheth, ach ma chuireas gnothach àraid eile as a chuimhne e, bheir sinn ribag as romh dheireadh an fhoghair.

Gus a bhi coltach ris a chuid eile de ’n t–saoghal bha Iubili Dhoimean na Ban–Rìgh air a cumail suas an seo leis a h–uile greadhnachas a ghabhadh deanamh, feadhainn nach fhaca ’m baile bho chionn thri–bliadhn–deug, rainig iad air an lath’ ud a nochdadh an dilseachd. Cha’n eil teagamh nach robh nach robh Lunnainn eag no dha fos air cionn a thaobh ioghnaidhean ’us sheallaidhean iongantach, ach bha gu leòr a làthair a bha smaointean nach robh. Ur Caraid, SEUMAS N. MACFHIONGHAIN.

Do’n Chuaich.

Fonn:—<eng>The Bonny Cuckoo.<gai>

LE <eng>T. O. RUSSELL.<gai>

Mo Chùach duil bhinn táir fáilteach linn,
'S tre coilltibh a's blàth' leat beidh mé san lá,
Go dtiocfaidh na sgoth' a's go seinfir leó,
Agus seinfidh mo Chùach insin go beo,
Cucù, cucù—go dtiocfaidh na sgoth,
Agus seinfidh mo Chùach a ris go beò.

Deirfidh na crainn 's deirfidh na blàth,
A Chùachìn bhinn nà fàg sin go brath,
Fan linn in so's deun samhradh go deò,
Ni sgarfair linn, fanfair go binn,
Fan linn a gcòmhnuidhe 's deun samhradh go deò,
Fan linn a gcòmhnuidhe 's deun samhradh go deò.

Bha dotair anns na Stàitean o chionn ghoirid a dol mu 'n cuairt air toir fir a chaidh as a rian agus a bha aige-san ri thoirt d' an tigh-chaothaich. Fhuair e e ann an tigh-cùrtach, agus e air <eng>jury.<gai>

D. A. Mac FHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-òs cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear tagraidh. Comhairliche, Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[Vol. 6. No. 4. p. 8]

Am bheil iad 'gam ionndrain o'n Bhaile.

Am bheil iad 'gam ionndrainn o'n bhaile?
Bu ghaolach le m' chridhe 's an ams',
A' chinnt gu bheil gràdhaich a guidhe,
"O! b' fhèarr leinn gu 'n robh e so 'n dràst!"
Am fios gu 'n robh 'n croillein mu 'n teallach
A' smuaindeachadh orms' tha air falbh,
Dearbh-bheachd gu bheil ionndrain aig bail' orm,
B' ard-sholas gun tomhas an sealbh!
B' ard-sholas, &c.

'N uair chiaras air feasgar-an tràth sin,
'Tha coisrigt' do 'n dàn-cian nan cian-
'Bheil neach ann a luaidheas air m' ainm-sa,
'Sa their, "'S fhad air falbh uainn mo mhiann?"
'S am mothaichear meang anns an òran.
'S gun mo ghuth-sa 'bhi 'còmhnadh na téis'?
No 'n duisg e teud-bhroin anns gach anam
Mi 'bhi uapa air m' aineil, an céin!
Mi bhi uapa &c.

An suidhich iad cathair aig bòrd dhomh,
'N am eibhnis an teòghlaich 'bhi dluth,
'Nuair lasar na coinnlean a' s' t-seòmar,
'S na reultan 's a ghorm-speur gu ciuin?
'N uair a ghabhas gach aon cead d' a cheile,
'S a theid iad fa leth 'ghabhail taimh,
'M bi cuimhn' air an fhear tha air 'aineol,
'S an guidh iad fo smalan dhomh "slaint'?"
'S an guidh iad, &c.

Am bheil iad 'g am ionndrain o'n bhaile,
Tra maidne, tra feasgair, no nòin?
'S na tharmaich neul duthach mu'n cuairt doibh,
Nach soillsich a ghruaim ach mo neòil-s'?
Bheil sugradh a' manran cho taitneach,
'S a bha ciann a b' ait 'bha mi leò?
No 'bheil iad o cheal, o'n nach doigh dhomh
'Bhi 'n caidribh a' chroilein ni is mò?
'Bhi n caipribh, &c.

Comhstrith nan Litrichean.

AIR FONN—"Cabair Féidh—"

AN T-UACHDARAN.

Thuirt "A" ri "B," mas leir duit mi
Na dean le mi-run amharc orm,
Bho'n 's mise ceannard oirbh gu leir

Nach éisd sibh ris na labhras mi,
An ciad neach bha riamh 'san t-saoghal
Bha mise 'm aonar maille ris,
Us chanar ris an t-ainm "A"
O'n 's e chiad ràdh rinn anail da.

O ghob na speireig 'tha 's na creagan
Thainig an dealbh beag agam-sa,
A tha dùinte anns a bhràigh
Da spàg 'us teangamh ghaganach;
Mar dhearbhadh gun d' thàinig beatha 'n t-saoghail
'S an ni bha marbh air cathrachadh,
Nach lionmhor ailleachd 'tha air "A"
Nach urrainn bàrd 'bhi canail air.

AN TUATHANACH.

Gu beachd, thuirt "B," ged 's mor do phròis
Tha beagan eòlais agams' ort,
Thàinig mi cho math riut fhéin,
'S gach ceum aon dòigh an gabhar e:
'S ann leam-sa thàinig beatha 's blas,
Bliochd 'us bàigh 'us barralachd,
'Us bha mi 'chomhnuidh mar ri Adhamh
Mu'n deachaidh "A" a chanail leis.

Mo dhealbh-sa thàin' o chrodhan bò
Anns a bheil sògh 'us maitheasachd;
'Bheir im 'us càise dhuinn le 'r lòn,
'Us air son òl 'bheir bainne dhuinn,
Grudh 'us uachdar, bàrr na fuaraig,
Brith o chuach na bannaraich,
Cha b' ionnan 'us an speireag lachdunn
Spùineadh cearcan tighe leis.

AN T-OIBRICHE.

Le smachd thuirt "C," 'us fiamh-ghàir orr'
S àbhachdach a' phaidhir sibh,
Le cheile 'g iarruidh a bhi àrd
'S an straic a deanamh fanoid oirbh,
Ged bha mi cruthachadh an t-saoghail
M'an robh ann h-aon agaibh-se
Cha chuala is cha chluinnt' an drast e
Mar sàraichear le 'r glaigeal mi.

Mo dhealbh-sa thàin' o'n dara séud
A dhealr' o'n speur air talamh dhuinn,
Nar chitear i air tùs gach mios,
Tha "C" mar chulaidh mhaitheis oirr'
Do'n choigreach gu tric toirt iùil
'S gur àrd mo chliu o'n mharaiche,
'S ged tha mi 'm sheirbheiseach do'n ghréin
Cha nàr leam fhein sin aideachadh.

Tha 'n t-Uachdaran fodh fhallain A, toirt a chiad àite da fein, mar a bu dual da o thùs. Cha 'n 'eil an Tuathanach, B, air aon chunanta a diultadh sin dha, ach tha e 'g innseadh dha cho beag 's as urrainn e dheanadh gun a chònadh-san. Tha C, an t-Oibriche, a leigeil fhaicinn gu soilleir gu bheil iad uile marbh às ionnais oibre.

CALUM CAIMBEUL MAC PHAIL.

Oran Ur.

FONN.

Seinn an duan so, hug i ri hu o,
Do 'm chailin dualaich hug o ro hi,
A's deirge gruaidhean 's a 's duinne cuailean,
'S gur lionmhor buaidh a th' air luaidh mo chridh'.

Fhuair mi eòlas an iomadh àite,
Ach bean do ghràdh-sa cha 'n fhaca mi,
Na te do ghluasaid 's do nàdur suairce
O c'ait' an cualas an d' fhuaradh i?

'S beag ioghnadh leam-sa na tha an déigh ort,
'S na bheil toirt spéis dhut an iomadh dòigh;
Thu modhail, ionnsaicht', lan tùir 'us ciùne,-
'S glan, cridheil, sùndach mo rùn geal, og.

Pearsa dhìreach, dheas, chuimir, dhealbhach,
Fo shioda balla-bhreac 's an fhasan ùr;
Ceum aotram, còmhnard, nach lub am feòirnean,
A's miann gach òigear do shealladh suil.

Tha do bhriathran-sa blasda, dòigheil,
Gun mheang, gun ghòraich, 'an òrdugh réidh;
Do ghuth mar smeòraich a' seinn 's an òg-mhios,
'S tu gabhail òrain a's bòidhche seis.

Cha 'n e diomhanas 'chleachd mo rùn-sa
Ach snas is cùram le tùr 'ga rian;
Ro mhoch ag éirigh, go dol ri feum thu,
'S gu 'n dearbhainn fhéin nach eil éis a'd ghnìomh.

Meur na chraoibh thu nach fhaodte réubadh,
'S a chinnich gle mhath 'san duthaich thall;
'S a chuid dhith bhuannaich taobh bhos nan cuaintean,
Gun chinn i suas mar bu dualach ann.

Ged bha thu sgrìob feadh na Staitean Aonaicht',
Cha tug sin smaointean 'bha faoin a' d cheann;
Thu soitheamh, ciallach, ro-chinn am briathran,
Mar chleachd thu riamh ma'n do thrial all thu ann.

Gur buidh' an òigear a gheibh do làmh-sa,
'S dha'n toir thu gràdh o's cionn chàich gu léir;
O, biodh e caoimhneil, lan tuir is faighdinn,
Gun gnìomh, gun fhoill ann, 's na shaighdear tréun.

'S ge b'e àite 's am bi do chòmhnadh,
Bi'dh paillteas stòrais 'us sòlais buan;
O, guidheam slàinte dhut, fad do làithean,
'S nuair thig am bàs dhol gu Pàrras suas.

LEIGHEAS BUAN.

Sgrìobh an t-Urr. <eng>Hy. Carter, Maddock, Springfield, P. E. I., <gai> mar a leanas, ann an Iun, 1895:—"Cha'n urrainn do m' mhnaoi labhairt tuilleadh us math mu <eng>K. D. C. <gai> an deigh na rinn e air a son. Dh' fhuiling i le droch stamaig, agus bha i ann am pian mor, cho mor 's nach b' urrainn dhi a cuid aodaich a chumail uimpe, agus smaoinich mi gu 'm faighinn <eng>K. D. C. <gai> dhi. Cha robh turas a ghabhadh i e nach robh e 'deanamh feum dhi, agus fada mu 'n do chuir i crìoch air da bhotull bha i ail a leigheas, agus theid aice nis air rud sam bith ithe."

Tha an litir so a nochdadh an éifeachd a th' ann an <eng>K. D. C. <gai> agus tha 'n té a leanas ag innse gu bheil an leigheas buan. Sgrìobh Mr. Carter Iulaidh 31, 1896, còrr us bliadhna 'n deigh so, "Chuir mi roimhe so litir ugaibh ag innse mar a leighis <eng>K. D. C. <gai> mo bhean. Tha i fhathast slàn, 's gu'n a seann eucail a cur dragh sam bith oirre" Sibhse tha tinn feuchaibh e. Tha <eng>K. D. C. Pills <gai> anabarrach math air son tinneasan cuim.

<eng>C. P. MOORE. <gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus

FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, -- C. B.

[TD 33-40]

[No. 5 a dhìth]

[TD 41]

[Vol. 6. No. 6. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHAN AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 6 OGUST, 1897. No. 6.

Litir a Lunnainn.

FHIR-DEASACHAIDH:—Leis a litir so gheibh sibh ordugh airson £3.5.9 gu pàigheadh airson MAC-TALLA fad bliadhna eile. Bithidh sibh cho math 's gu'n lean sibh air a stiuradh a dh'ionnsaidh na muinntir a tha mi ag ainmeachadh aig deireadh na litreach.

Tha mi an dochas gu'n gabh sibh mo leisgeul airson a' bhi cho fad a'm thosd; ni mi mo dhichioll air beagan ni's mò a sgrìobhadh chugaibh air a bhliadhna so na a sgrìobh mi fad na bliadhna chaidh seachad.

Cha'n fhaod sinn a bhi 'gearan air mar a tha cùis na Gàidhlig a dol air a h-aghaidh an so, ged is e tuilleadh adhartas a bu mhath leinn fhaicinn. Rinn an class Gaidhlig an Oil-thaigh an Rìgh an deadh obair fad a gheamhraidh agus chaidh duaisean a thoirt daibhsan a choisinn iad air Dior-daoin sa chaidh comhla ris an luchd-ionnsachaidh eile 'tha anns an Oil-thaigh. Tha an luchd-riaghlaidh gle thoilichte gu'm beil a Ghàidhlig a nis air a teagasg anns an Oil-thaigh: gu dearbh is ann a tha pròis orra as an t-seann chainnt.

Tha mòd a chomuinn Ghaidhealaich gu bhi air a chumail am bliadhna an Inbhirnis, agus tha dochas againn gu'm bi e na choinneamh mhòr as an tig mòran feum. Cha'n e mhain sin ach tha sinn an dùil gu'n toir iadsan a tha air a cheann dearbhadh air gu'm beil iad da-rìreadh anns na tha iad a deanamh an ainm a bhi cumail suas na Gàidhlig.

Tha an “Naigheachd Ghaidhealach” a nis a clo-bhualadh moran Gàidhlig gach seachduin agus thional am fear-deasachaidh mu fichead punnd Sassunach gu bhi air a thoirt mar dhuaisen do na maighstearan-sgoile airson a bhi teagaisg na Gàidhlig.

Bhur caraid dileas,
CABER-FEIDH.

A Framboise.

Bha teas anabarrach mor againn bho chionn cho’-la-deug; cha d’ fhairich sinn, tha mi’n dùil, riamh a leithid; cha’n ’eil mi cinnteach gu de cho àrd sa bha e, ach tha mi cinnteach nach robh e sàbhailte do mhac bodaich a dhol a mhac gun dubhar math air a sgall. Ach ’n deigh a h-uile rud, is math a tha sinn dheth seach àiteachan eile far a bheil moran a’ tuiteam as a seasamh, is gu leòr a’ basachadh le meud an teas; agus ma bhios foighidinn againn, ’s goirid an ùine gus a tig aimsir fhallain, fhionnar, mu’n cuairt.

Cha’n ’eil am bàrr a’ coimhead idir cho math ’sa chunnaic sinn iomadh uair mu’n àm so. Bha toiseach an t-samhraidh gle fhuar, fliuich, airson fàis, ach dh’fhaodadh gun tigeadh leasachadh fhathast ro àm buana.

Bha ’n t-iasgach gu math fad air ais am bliadhna. Cha d’ rinneadh a bheag a dh’-iasgach sgadain no traosg. Tha daoine an deigh a mheur ud de’n iasgach a leigeil dhiubh air na cladaichean so cha mor gu buileach, agus air tionndadh ri glachdadh nan giomach; ach bha ’n t-side cho stiormeil air an t-samhradh so, ’s nach do ghlachdadh faisg na h-uiread dhiu sa b’ àbhaist, agus a bharrachd air sin bha seachd latha air an gearradh dheth ’n ùine a fhuair sinn cead air an iasgach an uiridh. Ach “ma tha thu lag bi umhail.”

Cha d’ thainig na h-uidhir dhachaidh as na Stàitean thugain air an t-samhradh so ’sa b’ àbhaist, agus mar sin cha’n ’eil sinn cho gallda, ’s cha’n ’eil a Ghàidhlig idir a’ fhaotuinn a leithid a bhleith. Ach a mheud ’sa thainig, tha iad a’ coimhead gle mhath agus a bhuil orra gu robh iad an deagh chosnadh bho’n dh’fhalbh iad. Am measg na thainig faodaidh sinn ainmeachadh gu bheil bean D. J. Lamond, a tha fuireach bho cheann fhada a’m Boston, ach a fhuair a togail ’sa h-àrach ’san aite so, agus cha’n eil teagamh sam bith nach ’eil a càirdean uile toileach a faicinn.

Tha mi gle thoilichte fhaicinn gu bheil Comunn Ghàidhlig Halifax beò fhathast. Tha mi ’n dòchas gu soirbhich gu math leotha, agus tha mi saoil sinn gu bheil buill de’n Chomunn a dh’fhaodadh naigheachdan a chur a dh’ionnsuidh a MHAC-TALLA. Càit a bheil Mr. MacIlliosa, Mr. Sutharlan, agus mo sheana chairid Mr. Ailein MacIlleathain, aig a bheil leabhar air cha mhor na rinneadh us nach d’ rinneadh de dh òrain Ghàidhlig na thigh; tha mi ’n dochas gun cuir iad sin sgròbag an dràsda ’sa rithist ad ionnsuidh.

CEANN LIATH.
27, 7, '97.

Da Sgeul Beag Ait.

Bha dà thuathanach roimhe so ann an teàrn àraidh do'n dùthaich laimh ri cheile. Ach ged a bha iad mar sud a coimhearsnachd, cha robh iad idir a còrdadh. Bhiodh spréidh an dara fir a cur tric dragh air an fhear eile, agus an spreidh aigesan cho tric a cur dragh air a choimhearsnach. Cha robh ach buaireadh agus connsachadh eadar an dithis so na h-uile latha 'sa bhliadhna. Chaidh fear diubh air latha àraidh gu fear-lagha a bha faisg air, agus rinn e gearan laidir an aghaidh a choimhearsnaich; dh'iarr e air an fhear-lagha a choimhearsnach a thoirt gu'n dàil gu ceartas airson a chall a bha chuid spreidh a deanamh airsan. An nuair a chuir e a ghnòthaich an ceill, thubhairt an fear-lagha ris gu'n robh e duilich nach b' urrainn e a ghearan a ghabhail do brìgh gu'n robh a choimhearsnach aige a cheana agus gu'n do ghabh e a ghearan-san. Ach thubhairt e ris gu'n sgrìobhadh e litir da gu fear lagha eile. Bha an tuathanach làn thoilichte le so, agus sgrìobh an fear-lagha beagan fhocail dha; dhùin e an litir agus thug e dha i, thug e moran taing do'n fhear-lagha, agus dh'fhalbh e a mach. Ach an nuair a fhuair e mach smuainich e air fein gu'm bu toil leis fios a bhi aige ciod a bha anns an litir, 'se a bha ann shuidh e ri taobh an rathaid agus dh'fhosgail e an litir, chunnaic e ciod a bha ann, so agaibh na h-uile focal a bha anns an litir. "Da ghiadh reamhar; spion thusa fear dhiubh, agus spionaidh mise 'm fear eile." An nuair a chunnaic e so bhuaill e air aghart gu choimhearsnach agus sheall e an litir dha, agus rinn iad suas eatorra fein nach rachadh iad gu lagh am feasd, agus bha iad na'n coimhearsnaich mhatha riamh tuilleadh. Chunnaic iad nach robh dhith air an luchd-lagha ach an cuid airgid fhaotainn.

Bha gobhainn roimhe so 'san dùthaich a chaidh dh'iarruidh baisteadh air a mhinister, agus an déigh dha a ghnòthaich a chur an ceil, thoisich am ministir air cur cheist air mu thimchiol bòidean a bhaistidh, ach bha an gobhainn fada air ais, cha b' urainn e am ministir a fhreagairt ann an aon cheist. Ach mo dheireadh se thubhairt an gobhainn ris a mhinistir. "Beag taing dhuibh air a shon, 'se sin a cheaird a dh'iunsaich sibh, ach a cheaird a dh'iunsaich mise tha mi fein math aice, theid sinn sìos do'n cheardaich ach co againn is fear a chuireas cruidean air each."

Fhuair an gobhainn baisteadh an deigh so, cha deach ceist tuilleadh a chur ris.

Feumaidh sinn innse do ar luchd-leughaidh gu bheil sinn fo chosgus mhor ann an cur a mach a phaipeir, agus nach eil dòigh againn air pàigheadh a dheanamh mur dean iadsan sinne phàigheadh. Tha sinn an dòchas nach leig iad uireasbhuidh oirnn.

NA H-AOIREAN.

(Air a leantuinn.)

'S e an t-aobhar, ann an tomhas mor co-dhiu, airson a' bheil roinn cho mor de na h-aoirean Gaidhealach air bheag luach, gu'n do rinn na baird iad do fhear no do bhean eigin a chuir mi-thlachd orra. Cuir thusa dorran air a' bhard, coma c'arson agus coma co thu, agus aoiridh am bard thu. Nam b'e duine ath-ghoirid no treun air an cuireadh tu mi-thlachd bheireadh e do dheagh throd dhuit no bheireadh e ruith mhoirt ort; nam bu bhard e, dheanadh e aoir dhuit. Cha'n 'eil mar so ann am moran d'ar n-aoirean Gaidhealach ach trod ann an rann. Dh'-fheudadh e bhi gu'm bu duine thu a thoilleadh, airson do naduir no do chleachduin, dimeas no tair; ach cha b'e so an t-aobhar airson an do rinneadh dimeas no tair ort, ach a chionn gu'n do chuir thu mi-thlachd air a' bhard. Rachadh do chaineadh an neo-ar-thaing cho foghainteach ged bhiodh do bheusan agus do ghiulan 'n an urram do'n sgireachd d'am buineadh thu. Nam foghnadh leis a' bhard a bhi caineadh nam feart no nan cleachduinean a bha toillteanach air mi-chliu, no nam feuchadh e ri dealbh fìor a thoirt seachad air an duil thruagh a dhuisg a chorruch, bhiodh an aoir airidh air ni-eigin de mheas. Ach cha'n fhoghnadh so. O mhullach do chinn gu bonn do chois bha thu air do chomhdach le salachar a theanga. Cha robh meang, no failinn, no uireasbhuidh ann an corp no ann an inntinn a b'aithne do'n bhard, agus a bha air a mheas taireil 'n a latha agus 'n a dhuthaich, nach robh air an luaidh riut. Co-dhiu bha dad firinn ann no nach robh, cha deanamh e muthadh. Leugh "Aoir an Tailleir" a rinn Donnachadh Ban. Feudaidh e bhi gu'm bu duine an tailleir nach robh na b'fhearr na bu choir dh'a bhi. Ma dh'fhaodte nach faigh taillearan mar luchd-ceird uiread urraim o'n t-sluagh agus a thoilleadh ceird a tha cho sean agus cho feumail. Ach cha b'ann a chionn gu'm bu taillear MacNeacain, no gu'm bu droch thaillear e, no gu'm bu droch dhuine e, a rinn Donnachadh an aoir. Bha'n taillear, mar is minic a bha taillearan, 'n a bhard e fein, agus gun a theanga fo ghlais:

"Tha do theangadh mar reusar,
Le tainead 's le geiread,
Thug thu deannal dhomh fein d'i;
O's ann agad tha 'n eucoir
C'uim nach paighinn thu 'n eiric do sgeoil."

Co-dhiu b'ann aig MacNeacain a bha "an eucoir" no nach b'ann, cha deanadh e moran muthaidh, rachadh an aoir a dheanadh a dh'aon chor. Ach a chionn gur ann a phaigneadh ann an eiric sgeoil a chaidh a deanamh, leig am bard seachad an cothrom, agus chaill sinne an toilinntinn a gheibheamaid ann a bhi faicinn mar a dheanadh Donnachadh Ban culaidh-mhagaidh de na taillearan. An aite so tha againn moran de dhroch cainnt air bheag blas, agus na's lugha firinn. Cha'n fhaighear moran buannachd no toilinntinn ann a bhi leughadh coslas no cliu an taillear mar a sgrìobh Donnachadh iad:

“’S e do choltas r’a innseadh,
Fear sop-cheannach, grìmeach,
Gun bhoineid, gun phiorbhuic,
Gun bhad-mullaich, gun chirein,
Lom uile air a spionadh,
Car gu t-uilinn a sios ort,
Strac na dunach de’n sgrìobaich mu d’cheòs.”

Tha aon-thar-fhichead de earrannan de’n t-seorsa so anns an aoir,
agus saoilidh mi gu’n abair a mhor chuid de na leughas i gu bheil
co-dhiu fichead earrann tuillidh ’s a choir innte.

Cha’n urrainnear tuillidh cliu a thoirt do na h-aoirean eile a rinn
Donnachadh Ban. Dh’aoir e Uisdean Piobaire a thachair air ann an
Ceanntaile, a reir a sgeoil fein, airson an aobhair so:

“Bha aon bhalach ann air banais,
A thug dhomh tàmailt,
O’n bha esan mar sin domh-sa,
Bi mise mar so dha-san.”

Tha’n sin corr agus ceithir fichead sreath de dhroch cainnt ag
innseadh teisteanais Uisdean bhoichd. Cha deachaidh “Anna Nigh’n
Uilleam an Cromba” as na b’fhearr:

“Bhruidhinn mise sìobhalt, suairce,
Mar dhuin-uasal anns an àm sin;
Thoisich ise mar chu crosda,
Bhiodh anns na dorsan a’ dranndail.”

A chum stad a chur air dranndail Anna, b’eigin do Dhonnachadh fas ’n
a chù agus dol a thabhunn. ’S e aoir <eng>Wilkes<gai> no “Iain
Fhaochaig,” mar a dh’eadar-theangaich Donnachadh Ban an t-ainm, is
fearr. Cha b’urrainn cainnt “masladh” no “mi-chliu” <eng>Wilkes<gai>
a mheudachadh; agus toill e corruich a’ bhaird a chionn gu’n d’innis
e “breugan air rìgh Deorsa,” gu’m bu “bheag air Morair Loudain,”
gu’n do labhair e gorach “air cul Iarlà Bhoid, an t-armunn,” agus
gu’n do “bhruidhinn e gu leir mu Albainn.”

Ann am bardachd Mhic-Mhaighstir Alastair gheibhear gu tric fearg
agus corruich a’ bhaird a’ losgadh agus a’ léireadh naimhdean nan
Stiubhartach agus, ann am beachd a’ bhaird, naimhdean a dhuthcha.
Ach cha’n abrar aoirean ris na h-orain a rinn an Domhnullach ann an
aobhar a’ Phrionnsa, ged is maith is airidh moran dhiu air an ainm.
Cha ’n ’eil ach dithis de orain Mhic-Maighstir-Alastair ris an abrar
aoirean gu cumanta. ’S iad sin “Di-moladh Moraig” agus “Marbhrann na
h-Aigeannaich.” Cha ’n fhaighear an dà aoir so ach anns a cheud
chlo-bhualadh de shaothair a’ bhaird ainmeil so. Tha an leabhar a
nis ro thearc, agus is maith gu bheil a’ chuis mar sin. Cha leugh
neach sam bith aig a’ bheil inntinn fhallain an dà aoir so gun
sgreamh, gun ghairisinn. Cha’n aithne dhomh rann a sgrìobh bard
ainmeil ann an Gaidhlig no ann an canain eile a tha an steigh, an
smuain agus an cainnt cho truailidh, cho salach, agus cho breun.

Mar is lugha a theirear mu'n deidhinn is fearr.

De na baird is ainmeile 's iad Iain Lom agus Rob Donn, tha mi meas, a b'fhearr a dh'uisnich a' ghne bhardachd so airson teagaisg. Cha'n fhaighear am measg na bheil a nis ri fhaotainn de shaothair Iain Luim uiread agus aon aoir; ach is gann is urrainn dhuit aon d'a orain a leughadh gu'n fhaicinn gu soilleir gu'm bu làn aoireadair am bard so. Duine aig an robh geur mhothachadh air eucoir, air foirneart, agus air olc; duine aig an robh aignidhean laidir, inntinn lasarach, agus teangadh sgaiteach; duine a bha neo-eisemeileach, misneachail, ged tha e air aithris nach robh ann ach gealtair anns a chath; duine a rinn deagh obair 'n a latha fein, agus a tha, a reir mo bheachd, airidh air urram nach d'fhuair e fathast am measg a luchd-duthcha. Bha agus tha cumhachd Roib Dhuinn, gu sonruichte 'n a shiorrachd fein, na's treise na cumhachd Iain Luim, no ma dh'fhaodte aon d'ar baird Ghaidhealach. Tha mi de'n bheachd gur airidh Rob Donn air gach urram a fhuair e. Is gann a chreideas mi gu'n robh aon d'ar baird Ghaidhealach aig an robh beachd cho cothromach agus a bha aig Rob Donn air cumhachd na bardachd agus nu sonruichte air cumhachd na h-aoir mar mhodh-teagaisg. Co-dhiu cha'n aithne dhomh aon diu a dh'uisnich na buaidhean a bha aige air dhoigh cho ionmholt; agus tha mi meas, ann an iomradh air aoirean na Gaidhealtachd, gu bheil Rob Donn airidh air aite air leth dh'a fein. Feuchaidh mi ri sin a thoirt dh'a gu goirid; agus, mar sin, gabhaidh mi seachad air aig an am so.

Gheibhear na h-aoirean Gaidhealach is fearr, mar a thachair do na h-orain Ghaoil is fearr, air an deanamh le baird nach do rainig an t-aite a b'airde am measg am braithrean. Gheibhear aoir a nis agus a nis, fìor fhreagarrach agus fìor ghleusta, mar a gheibhear gu tric oran gaoil, air a deanamh le aon air nach cualas tuillidh iomradh. Am measg nam bard, seachad air an fheadhainn a dh'ainmich mi cheana, a rinn aoirean, tha mi saoil sinn gur iad Iain MacCodrum agus Ailean Dall is airidh air a' chliu is airde. Cha'n 'eil mi ro cinnteach nach feudar a radh gu'n toir an dithis so barr air gach bard Gaidhealach a tha againn, ach Rob Donn 'n a onrachd, ann an culaidh-mhagaidh a dheanadh do ni no do neach air an tugadh iad lamh. Tha aon de aoirean Iain MhicCodruim, cho fad agus is aithne dhomh, air chall, co-dhiu cha'n fhiosrach mi gu'n deachaidh i riamh ann an clò. 'S e sin an aoir a rinn e do Thaillearan an Eilean-fhada. Tha e air aithris gu'n do thachair am bard air Domhnullach Shleibhte air là araidh agus e air fhìor dhroch chomhdach. Cha robh ach gann stiall aodaich air. Dh'fheoraich Sir Seumas cìod a bu chiall do'n bhard a bhi cho luideagach; agus dh'innis am bard dh'a gu'n do rinn e aoir do na Taillearan a ghread iad cho goirt agus nach deanadh aon aca snathainn aodaich dh'a. Bhiodh e iongantach mur 'eil cuideigin anns an Eilein-fhada a ghleidh an aoir so air chuimhne; agus ma's e

[TD 43]

[Vol. 6. No. 6. p. 3]

agus gu bheil, tha mi meas gu mor an call mur cuirear i gun dail ann

an clo.

Cha'n 'eil orain shùgach no abhachdach ach tearc anns a' Ghaidhlig, ach gheibhear air uairean a' mheur so de'n aoir. 'S ann de'n t-seorsa so a tha na ghleidh MacCoinnich ann an "Sàr Obair nam Bard Gaidhealaich" air chuimhne de Orain Ghilleasbuig-na-Ciotaig. Tha "Marbhrann" agus "Aiseirigh," Iain Ruaidh fìor mhaith; agus cha'n 'eil an dà oran eile a rinn am bard ceudna "Oran cnaideil do'n Olla Leodach" agus "Banais Chiostal-Odhair" a bheag air deireadh. Ma tha cunntas a' bhaird fìor, bha ar n-aithrichean aig banais a neo-ar-thaing cho riasgail ruinn fein:

"Bhuail iad air a cheile chnagadh,
Leig iad air a cheile shádadh,
Shin iad air aithris na braide,
'S air cagnadh nan òrdag.

"Fear ri caoineadh, fear ri aighir,
Fear 'na sheasamh, fear 'n a laidhe,
Fear a' pogadh bean an tighe,
'S fear a' gabhail oran.

"Cha robh ann ach beagan dibhe,
Leig iad i dh'ionnsaidh an cridhe,
Bha fear 'us fear aca rithist,
Gun bhruidhinn gun chomhradh."

Cha'n 'eil aoir de'n t-seorsa a fhuair uiread cliu anns a' Ghaidhealtachd ri "Moladh Chabar-feigh;" agus creididh mi nach d'fhuair i barrachd cliu na thoill i. B'e rùn a' bhaird na h-uile spid agus tamailt a b'urrainn d'a a thoirt do na Rothaich. Cha bhiodh e farasda barr a thoirt air an rann a leanas:

"Tha'm brochan a toirt sàr dhuibh,
'S tha'n càl a' toirt at oirbh,
Ach 's beag is misde an t-àrmunn,
'Ur sàth thoirt an nasgaidh dhuibh.
Ge mor a thug sibh chàise,
Thar àiridhean Asainne,
Cha'n fhacas cuirm a'm Fòlais,
Ge mòr bha de chearcann ann.
Caisteal biorach, nead na h-iolair,
Coin 'us gilleann gortach ann,
Cha'n fhaicear bioran ann ri teine
Mur bi dileag bhrochain ann.
Cha'n fhaicear mairt-fheoil ann am poit ann,
Mur bi cearc g'a plotaigeadh,
'S g'an tional air an deirce,
'Nuair threigeas gach cosgais iad."

Cha'n 'eil teagamh nach 'eil moran aoirean de'n ghne abhachdaich so nach do chuireadh ann an clò. Chuala mi uair agus uair oran Tiristeach d'am b'ainm "Calum Beag MacCimein" 'g a sheinn, ach cha'n fhaca mi ann an clò e. Thug Calum turus-cuain do Glaschu leis an

“Du-lunndaich;” agus tha mi meas gun robh gibht na fochaid gu saobhir aig a’ bhard a dh’innis mar a dh’eirich dh’a.

Gheibhear air uairean na h-aoirean a’ gleidheadh cuimhne air atharrachaidhean a thainig air doighean agus cleachduinean an t-sluaigh; ged nach faighear cho tric agus a dh’earbamaid. Saoilidh mi gu bheil sinn na’s deise anns a’ Ghaidhealtachd gu bhi caoidh na cleachduin a dh’fhalbh na tha sinn gu bhi deanamh dimeas no tair no culaidh-mhagaidh de’n fhasan no de’n chleachduin a thainig. Air Galldachd agus gu sonruichte ana an Sasunn, is e an t-atharrach a tha fìor. Cha chluinnear ach ainmig caoidh air an ni a chaidh á fasan; ach biodh am fasan ùr maith no dona, nithear fanoid air anns a cheud dol-a-mach. Gheibhear ’n ar litreachas, agus bha aobhar air, moran caoidh agus monbhur mu’n reiteach a rinneadh air an fhearann airson aite a dheanamh do chaoraich agus do fheidh. Ach a mach bho “Oran nan Ciobairean Gallda” a rinn Ailean Dall, is gann a gheibhear dimeas no tair air a dheanamh air na cleachduinean ùra no orrasan a thug gu buil iad.

Bha aon chaochladh a dhuisg corruich nam bard air dhoigh ro shonruichte. Goirid an deigh bliadhna Thearlaich, thainig Achd Parlamaid a mach a’ toirmeasg an fheile-bhig; agus ag orduchadh gu’m feumadh gach fear briogais a chur air. Bhiodh e duilich do choigreach a thuigsinn gu’m bu chruaidhchas sam bith do dhuine gu’m b’eigin d’a a luirghean a chomhdach; agus ma dh’ fhaodte, an uair is ann air Sasunnach is trice a chi sinn am feile an diugh, gu’m biodh cuid againn nach abradh moran ged rachadh an t-Achd ceudna urachadh. Ach tha e farasta gu leoir a thuigsinn gur ann le fearg agus le searbhadas anma a dh’eisdeadh Gaidheal an là ud ris an ordugh am feile beag a chuir dhiu agus a’ bhriogais a chuir orra. Cha’n eisdeadh na Gaidheal a dh’-eirigh le Tearlach ach le don-fhoighidinn ri ordugh sam bith a thigeadh á Sasunn. Bha na Gaidheil a sheas air taobh Rìgh Deorsa a’ smuaineachadh gu’m bu droch phaigheadh airson an dilseachd Achd a bha ’n a thamailt agus ’n a mhasladh d’an Duthaich agus d’an Sluagh. Cha robh bard a sheinn ré ’n a h-uine a bha an t-Achd mi-fhortanach so ’n a lagh, co-dhiu bha e toirt umhlachd thoileach do’n Rìgh a bha ’riaghladh anns an àm no nach robh, nach do sheinn a’ caineadh na “briogais lachduinn” leis gach facal a bu sheirbhe agus a bu spìdeile a b’aithne dh’a, agus a’ moladh an “fheile bhig ’s a bhreacain” airson gach feum gus an cuirteadh aodach agus feum no dhà a bharrachd.

Bha sinn riamh, tha fathast, agus tha dochas agam gu’m bi, ainmeil, airson ar caoimhneis, le ar cuid agus le ar cainnt, ri coigrich. Ach bha aon choigreach ’n ar measg nach b’urrainn dhuinn a mholadh-an Sasunnach ainmeil Samuel Johnson. Labhair e spìdeil mu na h-Albannaich thar cheann; agus gu sonruichte cha robh e creidsinn ann an Oisean. B’e so an aon pheacadh nach faigheadh maitheanas. Rinneadh a bheatha cho fad agus a bha e ’n ar measg; ach cha bu luaithe a dh’fhag e ar crìochan na chaidh an t-soraidh ’n a dheigh. Ma b’fhìor Uilleam Ros, fhuair “Mac-na-Bracha” buaidh air an Fhocclair threun:

“An t-Olla-Mac-Iain le Bheurla,

Le Laidinn 'us Ghreugais-chainnt,
Gu'n d'fhag stuth uaibhreach nan Gaidheal
Teang' a chàanaich ud mall."

Anns a' chruinneachadh oran a chuir <eng>Gillies<gai> a mach ann am Peairt anns a' bhliadhna 1786, leabhar is gann air am faighear greim a nis, tha aoir shearbh do'n duine ainmeil so. Fhuair mi o chionn ghoirid bho charaid aoir nach deachaidh riamh ann an clò do'n "Olla Mac-Iain Le Seumas Mac-an-t-Saoir, fear Ghlinn-nomha." Anns an aoir so tha an duine urramach, oir bu duine e cho urramach agus a gheibhteachd am measg dheich mìle a dh'aindeoin a' bheachd fheallsa mu'n bhardachd Ghaidhealaich, air a chaineadh gu dubh agus gu maslach:

"Gur th chlach a dhiult gach clachair,
Gur tu gart-ghlanadh a' ghàraidh,
'S tu soplach 'us moll na fasgnaig,
An àm siol reachdmhor a chàthadh.
Measg an eisg 's tu'n dallag mhurlaich,
No 'bhiast mhùgach sin mac-lamhaich,
'S tu'n t-isein 'a meadhon na breine,
Am broc 's a shron 'n a cheir tri raidhean."

Ghleidh Mac-Coinnich air chuimhne dà aoir air am feumar ìomradh a dheanamh am measg nan aoirean Gaidhealach. 'S e sin "Seanachas Sloinnidh na Pioba bho Thus" le Niall Mòr MacMhuirich, agus Dimoladh Piob Dhomhnuill Bhain" le Iain MacCodrum. Shaoileamaid gu'm biodh a' Phiob air na steighean mu dheireadh a thaghadh na baird Ghaidhealach airson aoir. Bhiodh e dlù air bhi cho farasda leinn a chreidsinn gu'n deanadh bard Gaidhealach aoir do'n Fheile no do Oisean no do'n Ghaidhlig fein agus gu'n deanadh e aoir do'n Phiob. Tha prìomh bhard Shasuinn uair agus uair a' deanamh tair air an inneal-chiuil so; ach cha'n earbamaid na b'fhearr á Sasunnach air meud a thuigse. Tha <eng>Burns,<gai> ged a bha e baigheil ris na Gaidheil, ann an <eng>Tam O' Shanter,<gai> a' cur Shatain 'n a shuidhe ann an uinneig Eaglais <eng>Alloway,<gai> "a' seideadh suas na pioba leis gach cumhachd agus innleachd 'n a chomas." Ach Gaidheal ag aoireadh na pioba! Nam bu phiobaire bhiodh air aoireadh bu ni-eigin do chomhfhurtachd e; ged nach mor dhaoine a ghluaiseas cho mor-chuiseach, no a sheallas cho taireil air an t-saoghal mu 'n cuairt d'a, ri piobaire, an uair a tha 'phluic an impis sgaineadh.

(Ri leantuinn.)

COMHRADH

EADAR MURACHADH BAN AGUS COINNEACH CIOBAIR.

MUR.—Failte na maidne dhuit, a Choinnich; is moch a dh' fhag thu an Goirtean Fraoich an diugh. Tha duil agam gu 'n robh thu a' strith ris a' ghrein, agus a reir mo bheachd-sa is tusa a's luaith' a dh' eirich, oir tha astar fada eadar so a's do dhachaidh-sa agus a thuilleadh air sin tha 'n la fliuch, na raointean bog, agus an t-

slighe gun teagamh gach ni ach taitneach. Dean suidhe a steach ris an teine, cuir dhiot do chas-bheart, agus dean na 's urrainn thu chum thu fein a thiormachadh.

(Air a leantuinn air taobh 46.)

[TD 44]

[Vol. 6. No. 6. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 6 OGUST, 1897.

Tha moran sluaigh ag ullachadh gu dhol gu <eng>Klondyke<gai> a shireadh an òir; tha cuid air an t-slighe cheana, àireamh mhiltean dhiubh, ach tha iadsan a's eòlaiche air an àite ag radh gur co math do neach fuireach aig an tigh gu toiseach an earraich, a chionn nach biodh e dad na b' fhaisge air a cheann-uidhe toiseach an t-samhraidh le falbh an dràsda na bhitheadh e le falbh toiseach a mhios Mhàrt s'a tighinn. Agus tha aon duine, a rinn e-fhéin saobhreas mor anns na mèinnean òir roimhe so, a comhairleachadh do gach neach a tha smaoineachadh air falbh fuireach far am bheil e mur eil e 'na dhuine làidir, fallain, calma, agus mile dolair a dh' airgead aige; ach 'se 's dòcha leinn gu falbh na ceudan nach eil aon chuid làidir no calma, agus aig nach eil an treas cuid de mhile dolair. Bu chòir do neach sam bith a tha 'cur roimhe dhol ann a bhi na làn uideam mu 'm falbhadh e, agus gun a bhi idir dhe 'n bharrail gu bheil an t-òr cho pailt 's nach eil ri dheanamh air ach a thrusadh bhar an lair. Gun teagamh sam bith tha e pailt; 'se barrail mhoran gu bheil e na 's pailte ann na fhuairheadh ann an àite riamh roimhe; ach ma tha, tha aig daoine ri saothreachadh gu cruaidh air a shon mu 'm faigh iad e. Tha an dùthaich anabarrach fuar agus mi-fhallain, ma chreidear

gach sgeul a tha tigh'nn aisde, agus is cinnteach nach fhada gus am bi i air a dòmhlachadh le sluagh as gach cearna dhe 'n t-saoghal. Tha moran dhaoine an deigh am fortan a dheanamh ann cheana, ach tha e ri chreidsinn gu bheil a cheart uiread no barrachd nach d' rinn fortan no rud coltach ris air nach cualas iomradh fhathast. Tha aon litir ag radh gu bheil gu leòr de dhaoine anns an àite nach eil ri obair sam bith; co-dhiu is ann a dheòin no dh' aindeoin a tha iad 'nan tamh cha 'n eil an sgrìobhaiche ag radh. 'N uair a fhuair eadhon ann an Astralìa agus an California an toiseach bhrùchd moran sluaigh a stigh annta; rinn moran dhiubh saobhreas nach bu bheag, ach bha àireamh mhor eile, agus an àite saobhreas a dheanamh, 's ann a chaill iad eadhon 'na bh' aca. Cha 'n eil teagamh nach bi an sgeul ceudna ri innse mu 'n àite ùr so, ged a bhios dòchas againn nach bi ann an tomhas cho mor. A reir na thatar ag aithris, cha ruig neach sam bith a leas eagal a bhi air roimh dhol gu <eng>Klondyke,<gai> ma tha e, mar a thuirteadh roimhe, làidir, fallain, agus ma tha deagh mhothachadh aig air na tha roimhe, agus e làn uidheamaichte air a shon.

Mar a tha fhios aig luchd-leughaidh MHIC-TALLA cheana, rinn Riaghladh Chanada, 'san earrach s'a chaidh, reachd ùr leis am bheil bathar a tha tigh'nn á Breatunn air a leigeadh a stigh do 'n dùthaich so air cis na 's lugha na tha air a leagail air bathar á dùthchannan eile. Bha a Ghearmailt agus Belgium o'n uair sin ag agairt còir air an cuid bathair fhéin fhaotainn a stigh air an aon chis a thaobh seann chòrdadh a bh' eadar iad fhéin us Breatunn gu faigheadh an cuid bathair do cholonies Bhreatunn air an aon chis ri bathar Bhreatunn fhéin. Ach tha sin air a chur as an rathad; tha Riaghladh Bhreatunn an deigh rabhadh a thoirt dhaibh nach seas an còrdadh a bh' eatorra ach aon bhliadhn' eile.

Fhuair an t-Urr. Mr. Forbes sgeula-bàis a bhràthar, a chaochail ann a Winnipeg 'sa mhaduinn Di-ciaduin. Bha e na mhinistear, a saothreachadh ann an ceann a tuath stàit Dakota, agus bha e ann am Manitoba air chuairt. Bha ochdnar anns an teaghlach, agus b' esan a' cheud neach a thugadh air falbh leis a bhàs. Bha e tri fichead bliadhna 'sa seachd a dh' aois.

An Bard Agus an Ceard.

Bha Alasdair MacMhaighstir Alasdair, am Bàrd Murchanach, uair ag iasgach aig bial Loch Suaineart; agus, a' measg an sgioba 'bha leis bha seana ghiullan a bhuineadh do cheaird a bh' air chuairt anns an dùthaich aig an àm. Dh' éirich do'n bhalach gu'n do chaill e a dhubhan; ach cha do chuir sin moran mu 'n cuairt e. Ann an tiota rinn e fear eile de phrìne á aodach. Chòrd a gheur-chuis cho math ris a' bhàrd agus gu'n d' rinn e an rann a leanas. Ged nach robh an ceard ach òg bha e pòsda, ach dh' fhag a bhean-Caithrìona-e greis roimhe sud a chionn nach robh e comasach air a beathachadh.

Bi'dh mise'm bhàrd agud-sa,
'S bi'dh tusa 'd' cheard agum-sa.

'S e sud an ceard acuinneach,
Ud, ud, cha leig sinn dachaidh e!
Bu chrìon, dubh 'an uraidh thu,
Caitrìona cha chumadh tu;
'S ged bheireadh iasg dubhan bh'uaith
Fear 'dheanadh cha b' urrainn duit:
Ach 'm bliadhna gur murrach thu,
'S gu'n dean thu na h-urrad dhiùbh,
'S bi'dh sniad air a' bhun aca,
'S bi'dh d' fhiacail 'g an cum' agud-
Bi'dh mise 'm bhàrd agud-sa,
'S bi'dh tusa 'd' cheard agum-sa.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni
e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prìsean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil, Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 45]

[Vol. 6. No. 6. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh da shoitheach seòlaidh a chuir an greim ann a' Halifacs o chionn ghoirid air son a bhi bristeadh air lagh na cusbuinn. Chaidh ceithir cheud dolair de chàin a chur air gach té dhiubh.

Bha na h-ùbhlan anabarrach pailt ann an gleann Annapolis an uiridh, ach tha coltas gu 'm bi iad gle ghann air a' bhliadhna so. Tha iad ag radh nach bi iad ach m'an treas cuid cho pailt sa bha iad an uiridh.

Bha an t-side gle fhuar o chionn seachdain, agus shil moran uisge; tha daoine, mar is àbhaist, a' gearan, ach feumaidh iad sin, cho math riuthasan nach bi a gearan idir, cur suas leis gach seòrsa side thig, co-dhiu a tha gus nach eil e 'gan riarachadh.

Chaidh a h-aon deug de shoithichean-smùide a luchdachadh aig an

<eng>International Pier<gai> air an t-seachdain s'a chaidh, a bharrachd air àireamh de shoithichean-seòlaidh. Cha robh barrachd guail air a chur bhar na laimhrig sin rimh 'sa bha air a mhios a dh' fhalbh.

Cha do shoirbhich le luchd-iasgach nan giomach ach gu h-olc air an t-samhradh so, gu h-àraidh air taobh an ear an eilein, Tha fear aig an robh factoridh ann an Gabarus, Da'idh G. <eng>Smith,<gai> ag ràdh gu 'n do chaill iasgairean a' chladaich sin ceithir mìle <eng>trap<gai> leis cho fìor stoirmeil 'sa bha 'n t-side.

Tha moran dhaoine cur rompa dhol gu ruige <eng>"Klondyke"<gai> an t-àit iongantach sin anns am bheil an t-òr cho pailt. Eadhon ann an Ceap Breatunn tha àireamh mhath a' deanamh deiseil gu falbh. Cha 'n eil teagamh nach dòirt moran sluaigh a stigh do 'n àite, agus cha b' iongantach an ni ged a bhiodh tuilleadh 'sa chòir ann an ùine gle ghoirid.

Bha dubhar air a' ghréin a sheachdain gus an dé, eadar deich uairean us meadhon-latha, agus bha e soirbh gu leòr fhaicinn; ach cha b' urrainnear amharc air leis an t-sùil luim. 'S e 'n dòigh a b' fhearr air fhaicinn amharc air troimh ghlaine a bhiodh air a dorchadh le ceò. Cha robh an dubhar a' còmhdach na gréine gu buileach, agus mar sin, cha chuirte uidhreachd sam bith air an t-solus.

Chaidh pàisde nighinn, aois da bhliadhna, le Mr. Merritt, anns a' Mheinn a Tuath, a bhàthadh Di-Satharna s'a chaidh ri taobh an taighe. Bha toll air a dheanamh anns an talamh anns an robh tuba làn uisge air a chur air son deoch a chumail ris na tunnagan; thuit ise 'a comhair a cinn anns an tuba sin, agus ged nach robh i ann ach ùine gle ghoirid, mu 'n d' thugadh fa-near dhi, bha i air a bàthadh.

Chaidh stad a chur air soitheach ann an Toronto air an t-seachdain so, agus cha 'n fhaigh i cead duine chur air tìr, anns a bhaile sin gus an dearbhar nach eil a' bhreac air bòrd. 'S ann á Montreal a dh' fhalbh an soitheach, agus tha fathunn an deigh Toronto a ruigheachd air thoiseach oirre gu robh duin' air bòrd a bha fàs tinn leis a bhric. Bha suas ri deich duine fichead a' gabhail an 'turuais air an t-soitheach.

Tha iad ag radh gu bheil, ann an cearna de Newfoundland, daoine cho fad air ais 'nan crannchur 's gu bheil iad air an t-samhradh so an impis bàsachadh le gorta. Ann an aon àite, Bay Roberts, tha triùir de chloinn òga air bàsachadh cheana le cion a bhidh. Bha iad tinn le meur de 'n fhiabhrus dhearg, agus an deigh dhaibh a dhol am feobhas, cha robh biadh aca, agus chaochail iad an deigh fulang gu cràiteach. Is cianail an sgeul so, agus tha sinn an dòchas, ma tha i fìor, gu 'n gabh riaghladh na dùthcha sin os laimh cobhair a dheanamh air an t-sluagh bhochd a tha nrn eigin.

Tha boirionnach a mhuinntir Halifax, Seònaid T. Mhitchell, an deigh mèinn de dh' airgead beò fhaotainn faisg air Dartmouth; tha an stuth na 's glaine 'sa mhèinn sin na fhuairleadh riamh ann an Canada.

Tha fear Alastair Moore ann an Sidni Tuath a tha 'dol 'sa cheithir fichead bliadhna 'sa h-ochd a dh' aois, an deigh cnapach sabhail a thogail, air nach do chuir duine buille ùird ach e-fhéin. Nach b'e fhein an duine tapaidh.

Fhuair e iasg neònach air a chladach an Acarsaid a' Chléirich air an t-seachdain s'a chaidh. Tha e mu dheich òirlich a dh' fhad, cho caol ri cas pioba, gob fada biorach, agus lannan gle gharbh air. Tha e air fairthleachadh air na h-iasgairean ainm fhaotainn dha.

Thuit fear Domhnull Mac Aidh, a bha 'g obair air bòrd an t-soithich-smùide "Elliot," sios an toll nuair a bha i aig laimhrig a' ghuaill an Sidni Tuath, a sheachdain gus a bhòn-de, agus chaidh a dha làimh a bhristeadh, a bharrachd air a dhruim 'sa thaobh a ghoirteachadh gu dona.

Tha am bàt-aiseig, am <eng>Peerless<gai> a deanamh da thurus eadar Sidni us Sidni Tuath gach oidhche Di-haoine, agus cha 'n eil am faradh a' cosg ach coig sentichean deuga. O'n ghabh a' chuideachd ùr am bàta so os laimh tha iad an deigh a chur ann an uidheam na 's fhearr na bha e o chionn bhliadhnaichean.

Chaidh fear Iain Scott a bhàthadh ann an Seana Bhrìdgeport, Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh. Bha e fhéin us dithis eile mach ann am bàta, agus chaidh e thairis orra. Fhuair an dithis eile snamh gu tìr, ach chaidh esan a bhathadh. Thatar a' deanamh a mach gu 'n do bhuail greim e, air dhòigh 's nach b' urrainn d'a cumail air uachdar.

Bha eaglais ùr Chaitliceach air a fosgladh air Eilean nan Innseanach, faisg air Merigomish, N. S., a sheachdain gus an Di-dònaich s'a chaidh. Buinidh an eaglais do na h-Innseanaich; bha eaglais aca 'san àite sin roimhe, ach chaidh a leagadh le stoirm o chionn cheithir bliadhn' air ais, agus tha 'n togalach ùr so air a chur suas na h-àite. Bha an eaglais air a coisrighadh leis an Easbuig Chamaran.

Seachdain gus an Di-luain s'a chaidh, chaidh boirionnach a losgadh gu bás ann am Maitland, N. S., bean Sheumais Chaimbeil. Bha i deasachadh bidh anmoch feasgar, agus air dhi cromadh os ceann an teine, ghabh a h-aparan. Cha robh a stigh ach i-fhéin 'sa fear a tha 'na sheann duine lapach, agus mu 'n d' fhuair e 'ga cuideachadh, bha na lasraichean 'ga cuartachadh. Chaidh i 'na boil, agus ruith i o rùm gu rùm, agus 'nuair a fhuair e an teine chur as, bha i air a losgadh cho dona 's gu 'n do chaochail i maduinn Di-màirt. Bha i ceithir fichead bliadhna 'sa h-ochd a dh' aois. Bha i-fhéin 'sa céile cuideachd tri fichead bliadhna 'sa tri, agus bha iad 'nan caraid a bha gle mheasail aig na h-uile chuir eòlas orra.

Chaidh soitheach-seòlaidh a mhuinntir <eng>Newfoundland<gai> d' am b' ainm, <eng>"Florence,"<gai> a bhristeadh 'sa chur do 'n ghrund leis an <eng>"Scandavian,"<gai> aon de na soithichean mora smùide a tha ruith eadar Breatunn agus Canada. Bha am <eng>"Florence"<gai> air a turus gu St. John's lo luchd guail á Sidni Tuath, agus cha

robh i fada bho 'ceann-uidhe 'nuair a bhuaieadh i. Bha ceò trom ann aig an àm, agus chaidh i a bristeadh cho dona 's gu 'n deach i fodha air ball. Bha bean an sgiobair, agus ceathrar de na seòladairean air am bàthadh; cha robh ùine aca air iad fhéin a shàbhaladh. Thachair so beagan an deigh meadhon-latha a sheachdain gus an Di-satharna s'a chaidh. Bha an sgiobair agus na bh' air an sàbhaladh de na seòladairean air an toirt gu Boston leis an
<eng>"Scandanavian."<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

CARADH

Uaireadairean

Glanadh,

\$0.50

<eng>Mainspring,<gai>

.60

An da chuid,

1.00

<eng>W. H. WATSON<gai>

Air an t seann Laraich.

<eng>Baddeck, C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prisean ura.

A h-uile ni cho soar 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

CUIR A DH' IARRAIDH A

MHAC-TALLA

\$1.00 SA BHLIADHNA.

[TD 46]

[Vol. 6. No. 6. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 43.)

COIN.—Moran taing dhuit, a Mhurachaidh, ach tha mi co tioram ri arcan. Cha d' thainig mi o'n bhaile an diugh; cha d' eirich mi gus an robh e sia uairean, cha do ghabh mi mo lon-maidne gus an robh e seachd, agus cha do choisich mi an diugh ach a thigh Alasdair Mhic Ruairidh, ogha brathar mo sheanar, far an d' rainig mi an raoir, agus far an cuala mi moch an diugh gu 'n do chuir thusa an oidhche seachad an so maille ri do charaid coir fein, Uilleam Mor. Uime sin, ghreas mi orm chum gu 'm faicinn thu, agus fhir mo chridhe, thugadh a nis an solas sin dhomh.

M.—Cha 'n fhaca 's cha chual' mi riamh ni sam bith ni 's fortanaich' na sin, oir cha chluinn Uilleam Mor guth air mise so fhagail an diugh, agus ma leigeas do ghnothuch leatsa e, a Choinnich, fanaidh tu maille riumsa gu feasgar agus bithidh la againn dheth, agus mo lamh-sa dhuit gu 'n altaich Uilleam Mor agus Cairistiona a bhean eireachdail do bheatha an so, ged a dh' fhanadh tu fad seachdain.

C.—Cha 'n eil mi 'cur sin 's an teagamh idir, a Mhurachaidh, fanaidh mi gu feasgar co dhiubh, agus cha ghoirid an uine sin. Ach ciamar tha iad uile agad, a Mhurachaidh, eadar bheag agus mhor, agus ciamar tha 'n crodh?

M.—Tha sinn uile gun deireas, agus tha dochas agam gu'm bheil Seonaid agus an oigridh gu leir air an cosaibh.

C.—Cha 'n eil fath a bhi 'gearan. Bha Seonaid o cheann da la gle chrosda, frionnasach leis a' chneidh-fhiacal, ach is eucail sin nach tarruing moran truais o'n chridhe.

M.—Is eucail i gidheadh, a tharruingeas na cnamhan as an fheoil, agus cha 'n fhurast do mhac an duine, mar is deagh-fhios dhomhsa,

cur suas le sin. Tha a chneidh-fhiacal gabhaidh guineach gun teagamh, ach o nach eil i, mar a theirear marbhtach, cha ghabh iadsan nach do mhothuich riamh i suim di, agus uime sin, cha nochd iad ach co-fhulangas ro bheag; ach dean suidhe, agus stoldaich thu fein, agus innis domh beagan mu d' thuras Eireannach, agus mu gach cearnadh chum an deachaidh Sir Seumas agus thu fein air feadh na seann rioghachd sin?

C.—Dh' innis mi roimhe dhuit, a Mhurachaidh, gu 'n do chuir an toit-long air tìr sinn ann am Belfast agus b'e sin Belfast na bochduinn dhomhsa.

M.—Ciod a dh' eirich duit a Choinnich, ann am Belfast, baile mor le sraidibh fada, farsuing, agus lionmhorachd sluaigh?

C.—Agam-sa tha fios air sin, a Mhurachaidh agus fios air mo chosdas. Chaidh sinn dh' ionnuidh tigh-osda mor le dealbh feidh os ceann an doruis, agus gun teagamh rinn mo chridhe solas ris a' cheann chrochdach an duil gu'm fac e Gaidhealtachd na h-Alba roimhe so. Ach co dhiubh, an deigh dhuinn gach goireas a dheanadh maith dhuinn 'fhaotuinn, chuir mo mhaighstir a mach mi an deigh dhorch-oidhche a dh' iarraidh gne thombaca air an robh ainm neonach a thug e dhomh sgriobhta air cuibhrig geal litreach. An sin dh' fhalbh mi, agus bha na sraidean gle thaitneach agus leth-shoilleir leis na lochranaibh a bha air an suidheachadh aig astar araidh o cheile. Sheas mi aig aite a bha ann an cuil ri taobh na sraide, agus chunnaic mi Eireannach an sin 'n a sheasamh aig dorus tighe big a thogadh le fiodh; agus bha e ag eigheach gu cruaidh agus le 'uile neart, ris an t-sluagh gu dol a steach, agus gu 'm faiceadh iad ni miorbhuileach, eadhon each le 'cheann far am bu choir 'earball a bhi. Bha cuireadh aig na h-uile gu dol a stigh air son da sgillinn. Stigh a ghabh mise maille ris na ficheadaibh eile, agus mar amadan mor sheas mi an sin, agus chunnaic mi an t-each miorbhuileach sin mu 'n do ghlaodh an t-Eireannach le 'uile sgairt, chum n' am b' urrainn dasan, gu 'm faiceadh na h-uile e.

M.—Seadh, chunnaic thu an t-each, agus an robh e mar a thubhairt an duine luideagach, bith-bhriathrach a bha co cruaidh a' cnr bhuidhean iongantach an ainmhidh an ceill?

C.—Ochan! is e 'bha. Chunnaic mi each beag, ballach gorm 'n a sheasamh le 'cheann a mach agus le thulchainn aig ceann shuas na prasaich far am bu choir d'a cheann a bhi. Thuig mi gu h-ealamh an cleas a rinneadh orm, ach cha dubhairt mi diog; mar nach dubhairt neach eile de na bha a stigh. An uair a chaidh sinn a mach air duinn a bhi, ma b' fhior, lan iongantais, bhruchd na ficheadan eile a stigh, gu bhi air am mealladh mar a bha sinne. Ach cha 'n e sin a mhain a chuir dorran orm, oir bu bheag agam e, ach dh' eirich altrap ro thubaisteach dhomh. Cha luaith' a dh' fhag mi am bothan 's an robh an t-each, agus a rainig mi an t-sraid na dh' iondrainn mi mo sporrann anns an robh tri puinnnd Shasunnach ann an or, agus beagan a dh' airgiod briste. Thugadh as mo phoca an sporrann le fear-reubainn gun fhios gun aire dhomh, anns an domhladas sluaigh a bha 'g amharc air an each thubaisteach a bha an sin, agus cha 'n fhaigh mi e a

chaidh.

M.—Cha mhaith a dh' eirich dhuit idir, a Choinnich choir, is daor a phaigh thu air son an t-seallaidh a fhuair thu dhe 'n each bhallach; ach ciod a dh' eirich dhuit—ciod a rinn thu?

C.—Sheas mi tacan beag far an robh mi a' rannsachadh gach aite mu 'n cuairt domh, ach ochan! bha 'n call gun teagamh deanta. Bha duin'-uasal, co dhiubh ann an coslais, 'n a sheasamh ri m' thaobh, chunnaic e gu'n robh ni-eigin am mearachd, agus dh' fhoighneachd e ciod a dh' eirich dhomh? Dh' innis mi dha, agus thubhairt e rium stad an sin mionaid no dha. Rinn mi sin agus ghlaodh esan fear-eigin air ainm, agus ghrad thainig duine foghainteach, ard, le bioraid bhioraich air a cheann, crios mor, dealrach m'a chom, agus bata beag, buidhe 'n a laimh; agus chuir e lan a' pheice de cheistibh orm. Dh' fharraid e co as a thainig mi, c' ainm bha orm, ciod a bha mi 'deanamh, cait an robh mi fuireach, ciod an dath, a' chumadh, agus an deanamh a bh'air mo sporran, ciod an t-airgid a bha ann, cuin a dh' ionndrainn mi e, agus ceistean gun cheann gun chrich mar sin, ach, dh' fhalbh esan, agus dh' fhalbh mise gu bronach dhachaidh chum Tigh-osda an Fheidh.

M.—Cia mar a dh' eirich dhuit a ris?

C.—Dh' innis mi gu saor gach ni mar a thachair do Shir Seumas, agus rinn e lasgan gaire. Thubhairt e, "A nis, a Choinnich, teagaisgidh fear an eich bhig, bhallaich, ghuirm, gliocas duit, agus feumaidh tu sin mu 'n siubhail thu Innis-fail o cheann gu ceann. Ach c' ait am bheil mo thombaca air son an do chuir mi mach thu? An do chaill thu esan mar an ceudna? Fhreagair mi Sir Seumas, agus thubhairt mi gu'n robh an tombaca far an robh e riamh air mo shonsa, do bhrigh nach robh sgillin ruadh agam a cheannaicheadh e. Cha dubhairt an duin'-uasal a bheag, ach a mhain so, gu 'n teagaisgeadh cleachdannan an t-saoghail agus nan Eireannach gliocas dhomh.

M.—Cha d' fhuair thu do theagasg a nasgaidh, a Choinnich, agus cha 'n eil fhios agam c' ait am faigheadh. Comadh co-dhiu, cha 'n eil teagamh nach d' thug do mhaighstir sporran ur le 'lan airgid dhuit an ait an fhir a chaill thu.

C.—Is esan a rinn sin air ball. Mach a ghabh mi a ris, agus cha do chum each, no asail, no Eireannach mise gun tilleadh gun dail leis an tombaca, agus bha gach cuis ceart.

M.—Ach ciod a dh' eirich dhuit a ris, a charaid choir, agus c' ait an deachaidh tu air an ath la?

C.—Dh' fhalbh Sir Seumas agus mi fein air an ath mhaduinn, agus thug sinn Baile-Cliath oirnn air an t-slighe-iaruinn; agus O! b'e 'm baile maiseach e, le aitreabhan aluinn sraidean lurach, tighean greadhnach, agus gach ni eile a reir sin. Gu dearbh chord Eirinn air fad rium anabarrach maith. Is briagh an duthaich i, agus is aluinn na glinn, na beannta, na machraichean, na h-aibhnichean, agus na lochan sail agus uisge a chithear ann.

M.—Cha 'n eil teagamh idir nach i sin an fhirinn, a Choinnich, ach am fac thu moran dhe 'n duthaich re na h-uine a bha thu innte?

C.—Chunnaic mi ach beag gach siorramachd 's an rioghachd. Bha sinn a' siubhal gach la o dheas gu tuath, o'n ear gus an iar agus a' taghal bhailtean, agus mhachraichean, thighean nan tuathanach, agus chaistealan nan uaislean, agus mhaithean na tire. Seadh, c' ait anns nach robh sinn, oir bha luchd-eolais aig Sir Seumas anns gach ait agus ionad. Chunnaic sinn moran spreidh de gach seorsa, crodh-dubh, caoraich, agus eich; agus cheannaich mo mhaighstir na chuireadh stoc air an oigh—

[TD 47]

[Vol. 6. No. 6. p. 7]

reachd aige air fad; agus cha 'n fhios domhsa c' ait an cuir e an darna leth dheth, ach 's e sin a ghnothuch-san?

M.—Ach am bheil sgil aige-san air feudal? Am faithnich e deagh bheathach cruiddh, no eich, no caorach?

C.—Is ainneamh fear aig am bheil suil ni 's fearr air each agus air damh, ach cha'n eil e co tur eolach air fior chaora mhaith. Ach dh' earb e na bha a dhith air ri uaislibh thall agus a bhos gu bhi air an cur 'n a dheigh air muir aig an am fhreagarrach, agus le sin cha robh iad chum dragh sam bith dhomhsa, ach a mhain gu 'm fac' mi iad; agus ma chunnaic b' fhearr leam gu mor feudal nam beann Albannach; ach gach duine d'a thoil fein.

M.—Bu mhor a b' fheairrd thu do thuras Eireannach, a Choinnich, oir thug e eolas duit air daoinibh, agus air an cleachdannaibh—eolas nach faigheadh tu re linn 's a' Ghoirtean-Fhraoich.

C.—Cha 'n eil teagamh idir air sin, agus cha robh mo shaothair cailte a thaobh gu 'm fac' agus gu 'n cuala mi iomadh ni ris nach b' urrainn thu gun ghaire a dheanamh. Tha iad 'n an sluagh air leth air son beumadaireachd, cas-fhreagairtean, agus geur-chainnte.

M.—Is fhad o'n chual' sinn mu thapachd agus mu theomachd nan Eireannach, ach is i mo bhairil gu 'm bheil na buaidhean aca air an doigh so air am meudachadh thar tomhais, agus nach eil iad ach mar shluagh eile. Gun teagamh fhuair iad an t-ainm, agus tha deagh fhios agad-sa air firinn an t-sean-fhocail, "Am fear aig am bheil an t-ainm gu bhi 'g eirigh gu moch, gu'm feud e cadal a dheanamh gu h-oidhche."

C.—Tha sin uile gle cheart, agus gu sonraichte a thaobh an t-sean-fhocail, ach an deigh sin uile, fhuair mise iomadh dearbhadh, re mo cheilidh ghoirid ann an Eirinn, gu 'm bheil muinntir na rioghachd sin air an deacadh gu nadurra chum a bhi geur-bhriathrach, bearradach, agus thar tomhais beumach. Agus is iomadh gaire mor a

thug iad air Sir Seumas a dheanamh, 'n am doibh a bhi labhairt ris anns a' Bheurla, cainnt nach tuiginn-sa ach air mhodh neo-iomlan.

M.—Tha mi 'g ad chreidsion, a Choinnich, ach chum a' chuis sin fhagail gu uair eile an deigh so, theid sin dh' ionnsuidh ni eile, agus 's e so e, an cual thu idir na h-Eireannaich a' labhairt na Gaidhlig?

C.—A' labhairt na Gaidhlig! Ochan! bha iongantas orm air la araidh, air domh a dhol a mach a dh' amharc mu 'n cuairt domh, an uair a bha Sir Seumas a' deanamh ghnòthuichean maille ri duin'-uasal o'n do cheannaich e feudal; thug mi an rathad-mor orm fad leth-mhìle, eadar da riagh de chraobhaibh aillidh, dosrach, uaine, ard, agus thainig mi air seisear dhaoine calma, tapaidh, air an robh fallus a' leasachadh an rathaid. Air domh dluthachadh riutha, thog iad an cinn, agus thubhairt iad rium 's a' Bheurla, "Is briagh, blath an la so." Bha iongantas orm, gun teagamh, ach fhreagair mi gu sìobhalta na fir, agus ghrad thoisich iad air an obair fein. Ach, feuch m' iongantas an uair a chual mi iad a' labhairt na Gaidhlig r'a cheile. Dh' eisd mi, agus chunnaic iad gu 'n robh ioghnadh orm, agus an sin bu mhoide an seanachas aca r'a cheile a' gaireachdaich, agus ag radh, "Is coigreach so, agus tha iongantas air ann a bhi 'cluinntinn canain nach eil e 'tuigsinn." Bha gun teagamh iongantas orm an uair a chual mi a' Ghaidhlig far nach robh duil agam rithe, ach bha mi 'tuigsinn a' chuid bu mho dhe 'm briathraibh ged a bha iad 'g an labhairt ni 's braise, agus 'g an gearradh ni 's caise na chual mi a' Ghaidhlig 'n ar duthaich fein. Ach co-dhiu, ann an uine ghoirid, thubhairt mi, "Tha mi 'faicinn, fheara, gu'm bheil Gaidhlig agaibh." Thog iad an cinn, thilg iad am piocaidean air an lar, sheall iad orm mar gu 'm biodh adhaircean air mo cheann, leum iad air an aghaidh agus rug iad air mo dha laimh, agus thug iad crathadh cairdeil, cridheil dhoibh, ag eigheach, "Albannaich, Albannaich tha sinn toilichte d' fhaicinn!" Dh' fhan mi maille riu re uair na dinneir aca. Thug iad cuireadh dhomh a dhol maille riu gu tigh-osda a bha goirid o laimh chum deoch a ghabhail maille riu, ach dhiult mi an caoimhneas aca le taing, agus dhealaich sinn 'n ar deagh chairdibh.

M.—Bha sin uile ro thaitneach, a Choinnich, agus tha mi gle chinnteach gu 'n robh iongantas ort a' Ghaidhlig a chluinntinn ann an Eirinn. Ach thuigeadh iadsan thusa a labhairt ni b' fhearr na thuigeadh tusa iadsan. Tha aitean ann an Eirinn far nach thuigeadh tu ach fìor neoni dhe 'n chanain aca, agus aitean eile far an cumadh tu comhradh ris an t-sluagh dìreach mar a tha thu ag innseadh.

C.—Ach tha chùis mar sin 'n ar duthaich fein. Cha dean mise a' bheag de Ghaidhlig Chataobh, no de 'n Ghaidhlig a ta 'g a labhairt ann an Gleann-sithe, no ann am Braigh-Mhàrr goirid o Bhaile-Mhorair, caisteal na Ban-rìgh coir againn fein. Cha tuig mi ach neoni de bhàrdachd Rob Dhuinn, agus ochan, ochan, cha b'e Donnachadh Bàn againn fein, oir is ann aige-san a bha a' Ghaidhlig bhlasda, ghrinn.

"'S e Coire Cheathaich nan aighean siubhlach,
An coire rùnach is ùrar fonn,
Gu lurach, miad-fheurach, min-gheal, sughar,

Gach lus a's ur-bhlath is cùbhraidh leam."

(Ri leantuinn.)

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac Gilleain
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 48]

[Vol. 6. No. 6. p. 8]

Mo Thir.

LE L. M.

Is duthaich shaibhear, shuairc i,
Tir ard nan cnoc 's nan cruach i,
'S i aite-taimh nan buadh i,
Mo dhuthaich ualail fein.

Tha feara lughor, laidir,
Tha mhathan banail, cairdeil,
'S bu shona dol do 'n bhàs mi,
Air sgath mo dhuthaich fein.

Cha 'n fhearann gruamach, fuar i,
Ach 's duthaich bhlath is bhudhach,
'S i tir mo ghaol 's mo luaidh i,
Mo dhuthaich dhualach fein.

Na 'n robh maise buadhar,
Nam faigheadh ceart a duaisean,
Cha toireadh neach do 'm fuath i,
A nuas do m' dhuthaich fein.

O, 's duthaich bheairteach aill i,
'S i 'n tir tha maiseach aluinn,
Tir mhor nan sonn 's nan armunn,
Mo dhuthaich ghradhach fein.

Cumha Iain Ghairbh Mhic Ghille-Chaluim Rarsaidh.

LE 'PHIUTHAIR.

'S mi na m' shuidh' air an fhaodhlainn,
Gun fhaoilte, gun fhuran;
Cha tog mi fonn aotrom,
O Dhi-haoine mo dhunach.

SEISD-

Hi-il ò ho bha hò,
Hi-il ò ho bha ò
Hi-il ò ho bha ò
Hi-il ò ro hò bha éile.

Cha tog mi fonn aotrom,
O Dhihaoine mo dhunach;
O'n a chailleadh am bàta,
Air 'n a bhàthadh an cuiridh.

O'n a chailleadh am bàta,
Air 'n a bhàthadh an cuiridh;
Gille-Calum a b'òige,
'S Iain mòr-mo sgial duilich!

Gille-Calum a b'òige,
'S Iain mòr-mo sgial duilich!
'S i do ghuala bha làidir,
Ged a shàraich a' mhuir thu.

'S i do ghuala 'bha làidir,
Ged a shàraich a' mhuir thu;
Cha'n 'eil h-aon ann an Albainn,
Nach toir ainm air do spionnadh.

Cha'n 'eil h-aon ann an Albainn,
Nach toir ainm air do spionnadh;
'S ann an clachan na tràghad,
'Tha mo ghràdh-sa bho'n uiridh.

'S ann an clachan na tràghad,
'Tha mo ghradh-sa bho'n uiridh;
Gun sìod' air do chluasaig,
Fo lic uaine na tuinne.

Gun sìod' air do chluasaig,
Fo lic uaine na tuinne;
'S tu gun bhoinn air do léinidh,
Cha 'n eil feum air a cumadh.

'S tu gun bhoinn air do léinidh,
Cha 'n eil féum air a cumadh:
Cha 'n iarr thu gu 'fuaghal,
Bean-uasal no cruinneag.

Cha 'n iarr thu gu fuaghal,
Bean-uasal no cruinneag:
Tha do chlàidheamh na' dhùnadh,
Fo dhrùchdadh nan uinneag.

Tha do chlàidheamh na' dhùnadh,
Fo dhrùchdadh nan uinneag;
Co 's urrainn ga 'fhuasgladh,
'S nach gluais thu e tuille.

Co 's urrainn ga 'fhuasgladh,
'S nach gluais thu e tuille:
Do chuid chon air an iallaibh,

'S cha triall iad do 'n mhonadh.

Do chuid chon air an iallaibh,
'S cha triall iad do 'n mhonadh;
Do fhrìth nam beann àrda,
No gu àrd-bhéinn a' chuilinn.

Do fhrìth nam beann àrda,
No gu àrd-bhéinn a' chuilinn;
'S mi na m' shuidh' air an fhaodhlainn,
Gun fhaoilte, gun fhuran.

An Gille Dubh Ciar-Dhubh.

Cha dirich mi brughach,
'S cha shiubhail mi mòinteach,
Dh' fhalbh mo ghuth cinn,
'S cha sheinn mi òran.
Cha chaidil mi uair,
O luan gu dòmhach,
'S an gille dubh ciar-dhubh
Tighinn fo m' ùidh.

'S truagh nach robh mise,
'S an gille dubh ciar-dhubh;
An aodainn na beinne
Fo shileadh nan siantan;
An lagan beag fàsaich,
Nan aitigin diamhair,
'S cha ghabh mi fear liath
'S e tighinn fo m' ùidh.

Dh' òlainn deoch-slaime,
A ghille dhuibh ciar-dhuibh
Do dh' uisge nan lòn,
Cho deònach 's ge b' fhion e,
Ged tha mi gun òr,
Tha ni 's leor tigh'nn d'am iarraidh,
'S cha ghabh mi fear liath
'S e tighinn fo m' ùidh.

Mo ghille dubh bòidheach,
Ge gòrach le càch thu;
Dheanainn do phòsadh,
Gun deoin da mo chairdean;
Shiubhlainn leat fada,
Feadh lagan a's fhasach,
'S cha ghabh mi fear liath,
'S tu tighinn fo m' ùidh.

Mo ghille dhubh laghaich
'S neo-raghainn leam t' fhàgail,
Na 'm faicinn an cuideachd thu,

Thaghainn ro chach thu;
Ged' fhaicinn coig mil',
Air chinnt gur tu b' fhearr leam,
Cha ghabhainn fear liath
'S tu tighinn fo m' ùidh.

'S luaineach mo chadal,
Bho mhaduinn Di-ciaduin,
'S bruaileanach m' aigheadh,
Mur furtaich thu chiall mi.
'S mi raoir air dhroch leabaidh,
Cha 'n fhada gu liath mi,
'S an gille dubh ciar-dhubh,
Tighinn fo m' ùidh.

<eng>Grace Darling<gai>

Leth-cheud bliadhna 'sa h-ochd air ais, air an 7mh de
<eng>September<gai>, shàbhail <eng>Grace Darling<gai> agus a h-
athair, le 'n tréine, naodhnar dhaoine o bhi air am bàthadh. Tha 'n
obair sin, sàbhaladh-beatha, a dol air adhart fhathast, agus tha
<eng>K. D. C.<gai> a' deanamh a chuid fhein. Is e bhi slàn an dòigh
a's fhearr air son a bhi fìor shona.

Tha stamagan neo-fhallain a' deanamh dhachaidhean agus dhaoine mi-
shona, ge b'e àite 'n faighear iad. Gheibhear cuideachadh, faochadh,
agus leigheas do stamagan neo-fhallain ann an <eng>K. D. C.<gai>
Feuch e. Tha e air a shàr-mholadh.

Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air son tinneasan cuim.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir

tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, -- C. B.

[TD 49]

[Vol. 6. No. 7. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHAN AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 13 OGUST, 1897. No. 7.

As na h-Eileanan Coille, E. P. I.

A CHARAID UASIL AGUS CHOIR,—Tha trustairachd de nair orm airson cho fada sa tha mi gun sgrìobhadh thugad, ach ged nach toil leam a bhi gabhail leisgealan nam biodh agads' an t-aobhar a thug orm an dàil a bhi cho fada, ghabhadh tu mo leisgeul air an turus so. Bha mi dol a sgrìobhadh ann am mìos na gibleann a chaidh seachad agus thachair Gàidheal coir rium, agus gheall e gun taoighleadh e agam air an t-seachdain a bha tighinn agus gu'n dugadh e dhomh ainm agus a dhollargus cuir a dh'iarraidh a MHAC-TALLA. Cha'n fhaca mise mo charaid tuilleadh gu latha an Taghaidh, no mar a their na goill latha na h-<eng>Election.<gai> Bhruidhinn mi ris m'a dheibhinn, agus thug e an gealladh ceudna dhomh, ach tha mi faicinn nach eil e 'm brath tighinn. Cha 'n 'eil mi aig an àm a dol a radh cò e, an dòchas gu'n dig e fathast, ach mur a dig, tha mi smaointeachadh gu'n gabh mi a chomhairle a thug Calum Ruadh ort féin, 'na litir m'a dheibhinn an fheadhinn nach do phàigh MHAC-TALLA, gu'n cuir mi 'ainm agus a shloinneadh ann an litrichean mora dubh ann an ath uair a sgrìobhas mi; oir tha fios agam gu bheil cuid de na Gàidheil gle fhuilannach ann an gnothaichean dhe'n t-seòrsa ud gus a beanair do'n smior.

Cha bhi mi ag radh tuilleadh an dràsta ma 'm bi mo litir tuilleadh us fada, a chionn tha mi a cur air adhart seann òran a dh'-ionnsaich mi bho 'm mathair gus a chur 'sa MHAC-TALLA. Cha'n fhaca mi riabh ann an leabhar e ach tha mi an dùil gur e Ailein Dall a rinn e. Bu ghle thoil leam fhicinn air a chlo-bhualadh, agus bu ghle thoil leam thu fhéin fhaicinn air chuairt air an t-samhradh so rithist; mo bheannachd leat féin 's le MAC-TALLA an la a chi 's nach fhaic.

SEUMAS A. MAC ILLE-MHAOIL.

8, 8, '97.

Litir a Ceap Nor.

A CHARAID,—Faigh anns an litir so dolar, air son bliadhna eile de'n MHAC-TALLA.

Bu choir dhomh bhi air a chur air adhart beagan roimhe so, ach mur bhiodh litir Chalum Ruaidh—ge be co e—anns an àireamh mu dheireadh, cha'n 'eil fios nach cuirinn tuilleadh dail anns a chùis.

Anns a gheamhradh s'a chaidh, ghreas Iain Ruadh a dholar air falbh as an àite so air eagal gu'n cailleadh e a fhradharc le bhi 'm fiachan do'n MHAC-TALLA, ach cha'n 'eil mi' duil nach b'fhearr leam fhein gu mor tomhas de m' fhradharc a chall na m' ainm a chur sios ri aireamh na muinntir "nach do phaigh" mar tha Calum Ruadh a chomhairleachadh dhuit a dheanamh. Cha'n 'eil teagamh agam nach eil Calum gle cheart, 's mar sin 's glìce do gach neach a dholar a chur air adhart na thrath.

Tha fìor chabhaig orm a sgrìobhadh na litir so, 's feumaidh sibh mo leisgeul a ghabhail air son i bhi cearbach; 'nuair bhios tuilleadh uin' agam sgrìobhidh mi rìs.

Is mi &c,
M. D.

Bas gun Tiomnadh.

Bha sid ann uair duine beairteach, agus chochail e gun tiomnadh a dheanamh. Bha a bhantrach air son a chuid saoihbheis a bhi aice fhéin, agus 'se rinn i a bhàs a chumail an cleith, agus fhuair i griasaiche bochd a bha 'sa choimhearsnachd gu dhol do leabaidh an duine mhairbh fhad 'sa bhiodhte 'deanamh tiomnaidh. Rinn an griasaiche sin, agus an deigh a chòmhdach air dhòigh 's nach aithnichte e, thugadh fear-lagha a steach agus thoisicheadh. Rinn an griasaiche a ghuth cho fann 's cho critheannach 'sa b' urrainn da, 's thòisich e air tiomnadh sid us so do'n bhantraich, gus an robh an oighreachd cha mhor uil' aice. "Agus gu de nithear ris a chòir," ars am fear-lagha. "An còrr" arsa 'm fear a bh' anns an leabaidh, "tha mi fàgail 'sa tiomnadh do 'n ghriasaiche bhochd a tha 'fuireach taobh thall na sràide; bha e riamh 'na dhuine còir 's 'na dheagh choimhearsnach, agus 's beag an ni dhomh beagan de'm chuid fhàgail aige." Bha a bhantrach feargach gu leòr ris a' ghriasaiche air son e dh' fhàgail dileab cho mor aige fhéin, ach cha robh math guth a thoirt air, oir 's i 'n t-sloightearachd a bh' anns a' chuis air fad, agus mar sin fhuair an griasaiche a chuid de'n oighreachd cho math rithe fhéin.

An t-Each.

Theid aig each cumanta air mìle chois eachd ann am fichead mìonaid; theid aige air mìle throt ann an sia mìonaidean; agus nì e an t-astar ceudna air a chruinn-leum ann an ceithir mìonaidean. Tha e cho trom ri seachdnar dhaoine, agus cho làidir ri coignear. Tàirnidh e naodh ceud punnd gun chuidhlean air àite còmhnard. Nì e uiread obrach ann an ochd uairean 'sa thogadh coig ceud tunna deich troighean bho'n làr. Tha e aig a lan mheudachd 'nuair a tha e coig bliadhna dh'aois; sì àireamh a bhliadhnaichean sia deug, ach is tric leis a bhì beò gus am bì e thairis air coig bliadhna fichead. Is urrainn da bhì beò coig latha air biadh tioram gun uisge seachd latha deug gun bhìadh gun uisge, agus ceithir latha fichead air uisge gun bhìadh.

Tha M. Faure, Ceann-suidhe na Frainge, ag ullachadh gu dhol air chuairt do cheanna bhaile Ruisia. Ach cha'n fhaic e an Sar air a thurus idir, oir tha 'n Urra Mhor sin mu'n àm cheudna, a fàgail St. Petersburg, 'sa dol taobh eile. Cho mor 's gu bheil an cairdeas eadar an da dhùthaich, tha e coltach nach eileas a meas iomchuidh an luchd-riaghlaidh a leigeil cuideachd. 'S iongantach an càirdeas a th' eatona; an Fhraing a tha air a riaghladh gu buileadh leis an t-sluagh, far nach cuireadh an sluagh suas le coltas rìgh no ban-rìgh thairis orra fad cheithir uairean fichead, na dlùth-charaid do Ruisia, dùthaich anns am bheil gach cumhachd-riaghlaidh, aimsireil agus spioradail, ann an laimh an t-Sàir, agus far nach dàna le duine beò a radh gur h-olc. 'S iomadh nì neònach a th' ann, agus is so aon dhiubh.

Chaochail duine saobhir ann am Paris o chionn ghoirid le cràdh cridhe 'n deigh dha a chluinntinn gu'n do chaill e a chuid uile ach ceud mìle franc, mu sheachd mìle deug dolair de'n arigead againne. Bha fear de chàirdean a bha anabarrach bochd agus 's ann air a thuit dileab an fhir a dh'fhalbh. Air dha-san sin a chluinntinn, chaidh e 'na leithid de bhoil leis an toileachadh 's gu'n do chaochail e fhéin.

'Sì ghlas a's sine tha ri fhaotainn an diugh glas a bha ait aon de dhorsan Ninebheh. Tha an iuchair na deagh ultach r'a giùlan, mu thri troighean gu leth a dh'fhad, agus mu cheithir oirlich a thiughead. Fhuaras mar an ceudna glas a bha 'm feum 'san Eiphit o chionn ceithir mìle bliadhna air ais. Tha a' ghlas agus an iuchair air an deanamh air fiodh.

Bha am piobaire an déigh cuairt a thoirt air a phiob 's an t-Eireannach ga éisdeachd. 'Nuair a sguir e, thuirt e, 's e 'g amharc mu 'n cuairt le pròis; "Eh, dhuine, tha 'm port ud doirbh a chluich." "Am bheil gu dearbh," arsa Pat, "ma tá, b'fhearr leam fhin gu robh e cho doirbh 's nach gabhadh e cluich idir."

[TD 50]

[Vol. 6. No. 7. p. 2]

SEALG BHEINN-EIDIR.

Fionn le feachd na Feinne,
Air cùl Bheinn-Eidir a' sealg.

Chuala mise roimhe so gu 'n deachaidh Fionn le feachd na Feinne la a shealg gu cùl Bheinn-Eidir. Thaghail iad air an uidhe a chur seachad na h-oidhche an tigh Abhchain bhig na bruinne. Bha cathair ann do gach triath ach Conan, 's b' eudar dhàsan suidhe gu leathan air leacan an urlair. Thòisich càch air fanaid air, agus air tilgeil smugaid na geilte air. Theann Conan ri carachadh a thoirt air fhein, ach ma threann, a mhic chridhe, cha b' urrainn da glideachadh-bha shuidhe 's a chasan air leanachd ris an urlar.

An uair a chunnaic càch an orra-shuidhe bhi air a' chulaidh-thruais a bh' air na leacan, theab iad an clìth a chall leis a' ghàireachdaich.

"Bu mhi 'pioc-an-coimheach,'" arsa Conan "ach na 'm biodh sibh air an aon dìol riumsa cha b' urrainn duibh moran a a dhianamh air ur son fhein, 's cha bhiodh sibh cho ro mhath air magadh."

An uair a chuala iad so, theann iad uile ri gluasad, ach cleas Chonain, bha an suidhe air leanachd ris na cathraichean, agus na cathraichean air leanachd ris an urlar. Chuir so a' ghlas-ghuib orra, 's dh' àireamh Fionn an Fheinn. Dh' iontraich e dithis-Diarmad a's Laothair, 's shéid e corn-nam-fiùth.

Am bial an anmoich, le tubaist air choirigin, mhearachdaich Diarmad a's Laothair an Fheinn, 's bha iad ag cumail air an aghart, gun dìon, gun fhasgadh gus an d' thainig iad air sìthein faoin an iomall na frithe. Is ann ann an so a bha iad an uair a chuala iad an corn. Thuig iad gu 'n robh iomral no éiginn 's a' chùis; a's togar orra, gun bhiadh gun deoch, 's dianar caol dìreach air an àite as an cual iad an corn, tigh Abhchain bhig na bruinne. Rainig iad; ach ged a bhiodh iad fhathast a' dol timchioll an tighe, cha'n fhaigheadh iad dorus, no uinneag, no toll air. Mu dheireadh thug Diarmad leum air mullach an tighe, 's cuirear dìdeag a stigh air an fhàrlus, agus faicear na suinn 'n an suidhe gu soistinneach. Bheannaich e dhaibh, a's bheannaich iad dhà; agus dh' fharraid e dhiubh an ann an sid a sheid Fionn an cor. Thuirt Fionn 's e freagairt gu'r h-ann, agus na 'm bu duine esan a bh' air tì math, nach b' ann romh 'n àm a thàinig e; ach na 'm bu duine e a bh' air tì cron, gu'n robh gu leoir diante an sid mar a bha; agus an sin dh' innis e mar a dh' éirich dhaibh. "Innis dhomh-sa ma ta ciod is math leat mi a dhianamh, 's cha'n fhàg mi iall gun tarrainn gu fuasgladh oirbh," arsa Diarmad.

"Rach a dh-fhaire àth na h-amhna ud shios, an nochd," arsa Fionn, "agus innsidh mi dhut am màireach, ciod a bhios agad ri dhianamh."

Thuirt Conan, "Mur toir thu leat biadh a m' ionnsaidh-sa, cha bhi buaidh ach ortsa no ormsa cho luath 'sa gheabh mi fuasgladh."

Dh' fhalbh Diarmad a's Laothair a dh-fhaire na h-amhna. Cha b' fhada bha iad an sin an uair a dh' fhairich iad fuaim mhòr, fioram, agus

farum tàirneinich, clachan beaga a' dol an ìochdar, 's clachan mòra a' tighinn an uachdar! Co bha 'n so ach an triùir a bu shine de mhic rìgh Lochlunn le feachd armailte.

"Co an dà ludaire mhor a tha 'n so, a' faire an àth mu 'n tràth so dh' oidhche," arsa na farbhlaich.

"Is coma sin," arsa Diarmad, "ach co an triùir mhac rìgh sibhse le feachd armailte a' dol a chur an àth mu 'n àm so dh' oidhche, 's gu 'm bu chòir dhuibh gabhail mu thàmh an déis dol fotha na gréine."

"Is sinne," ars iadsan, "triùir de mhic rìgh Lochlunn a' dol air chuireadh gu cuirm 's gu cuid oidhche gu Fionn Mac Cumhail 's gu mhuinntir."

"Cha teid sibh an sin an nochd ach thair m' amhaich-sa," arsa Diarmad; 's dh' fharraid e de Laothair cia dhiubh a chasgradh e triùir mhac an rìgh, no am feachd.

"Casgraidh mise triùir mhac an rìgh," arsa Laothair.

Thòisich an cath; agus mar a bu tiuighe iad, is ann a bu taine iad; agus mar bu taine iad is ann a bu trom-bhuailtiche iad; 's mar bu trom-bhuailtiche iad, is ann a bu trom-mharbhtaiche iad; agus an àm éirigh na gréine cha robh ceann Lochlunnaich air coluinn no coluinn gun sgoltadh 's gun àitheadh. An sin thog Diarmad a's Laothair orra gu falbh. Mar a bha iad a' tilleadh air an ais, gun mhir bidh gun diar dibhe, a' smaoineachadh cìod a bheireadh fuasgladh do 'n Fheinn, tachrar maighdean Eilein-an-éisg orra, 's cliabh de dh' aran 's de dh' iasg aire. Bheannaich i dhaibh 's bheannaich iad d'i, 's tuitear i 'n trom ghaol air Diarmad 's thugar dhaibh gun obadh an cliabh 's na bh' ann 's bu bheag leatha e, gu fuasgladh air maithean na Feinne. Rainig iad tigh Abhchain; ach cha deachaidh iad a stigh, air eagal gu 'n tuiteadh iad cleas chàich, fo dhraoidheachd rìgh Lochlunn. Is e a rinn iad dol air mullach an tighe, agus an t-aran 's an t-iasg a thilgeil a stigh air an fhàrlus dhaibh-fear an deigh fir. Cha robh teanga Chonain riabh fo 'chrios agus choisinn a mhì-foighidinn da 's droch-uair so, deireadh riarachaidh. Bha Diarmad 'g a chur seachad air Conan, agus Conan 's a' ghlaodhaich, "Na 'm b' ann mar sin a dhianadh tu air na h-igheanan cha bhiodh na mnathan cho trom an déigh ort."

Chuir Fionn an oidhche sin a rithist iad a dh' fhaire na h-amhna, 's thuirt e riu làn na cuaiche thoirt leo de dh' fhuil mic an rìgh. Rainig iad an t-àth. Cha robh iad ach goirid an sin an uair a chuala iad fuaim mhor, fioram agus farum mar a chuala iad an oidhche roimhe. Cìod a bha 'n so ach an triùir a b' òige de mhic rìgh Lochlunn le feachd armailte.

Thuirt mic an rìgh, "Co an da ludaire mhor mhi-dhealbhach a tha 'n so?"

"Tha sinne," arsa Diarmad; "ach co sibhse, no c'aite tha sibh a' dol le feachd armailte a' dol a chur an àth, 's gu 'm bu choir dhuibh

gabhail mu thàmh an deigh dol fotha na gréine?"

Is sinne," ars iadsan, "an triuir is òige de mhic rìgh Lochlunn, a' dol air chuireadh ga fleadh gu Fionn Mac-Cumhail 's gu mhuinntir."

"Bidh fios co is treasa mu 'n cuir sibh an t-àth an nochd," arsa Diarmad; 's gun tuilleadh éisdeachd, thuirt e ri Laothair, "cia dhiubh a dh' fhoghnas tu do mhic an rìgh no do 'm feachd?" Thuirt Laothair gu 'm foghnadh e do mhic an rìgh, 's chaidh na suinn an dàil a chéile, 's mar bu tiuighe na Lochlunnaich is ann a bu taine iad, 's mar bu taine iad is ann a bu trom-bhuailtiche iad, 's mar bu trom-bhuailtiche iad, 's ann a bu trom-mharbhtaiche iad, 's mu éirigh na gréine cha robh gin beo de na Lochlunnaich ach fear a bh' air leth-laimh, 's fear a bh' air leth-chois. Thog iad làn na cuaiche de dh' fhuil mic an rìgh 's thill iad gu tigh Abhchain bhig na bruinne.

An uair a ràinig iad 's a dh' innis iad an sgial, thuirt Fionn ri Diarmad e chur na fala ri buinn a dha chois fhein an toiseach, agus an sin e thighinn a stigh 's e 'g a cur riuthasan, 's gu 'm faigheadh iad fuasgladh. Is ann mar sid a rinn e. Bha Conan cho leamh 's a b' àbhaist le cion na foighidinn 's gu 'm b' e an deireagan; ach, cha bu luaithe a bhean an fhuil dh' a chasan na thug e leum as, agus le neart na cabhaige lean a shuidhe ris na leacan. Bha e an sin 's an ochanaich air feadh an tighe gus an do shuath Fionn an fhuil ris, 's an do leighis e.

An uair a fhuair an Fheinn iad fhein uidheamachadh, dh' fhalbh iad air cheann an turuis, a shealg gu cul Bheinn-Eidir. Ràinig iad gun mhoille gun sgìos, agus chuir iad an fhaghaid gu dian, toirteil, 's rinn iad làmhach air an robh ainm. An uair a chualaich 's a chruinnich iad an t-sealg 's a shuidh iad a sheanchus, faicear iad luidreagan luaineach, mi-dhealbhach a' leum gach, feithe 's a' tomhas gach glaice, a' dianamh orra caol dìreach. Thàinig e 's bheannaich e dhaibh am briathran fiosnachail, fosnachail fìor-eòlach. Bheannaich iadsan dàsan 's na briathran ciadna. An sin dh' fharraid Fionn d'e fàth a thuruis. Thuirt an Luidreagan gu 'n robh e dol air tòir maighistir. Dh' fhaighnich e dh' e an robh ceaird aige no ciod an tuarasdal a bhiodh e 'g iarraidh. Thuirt an Luidreagan gu 'm bu chòcaire e, 's gu 'n gabhadh e muinntireas bliadhna 's nach biodh e ag iarraidh de thuarasdal ach aon achanaich; agus chuir Fionn muinntireas bliadhna air. "Cha 'n fhaod i bhi trom, ma ta," arsa Conan. "Fosadh ort, fhir chrìn a' cnonais," ars' an Luidreagan, "mhothuich mi lorg do theanga cian mu 'm faca mi thu;" agus gun fheitheamh ris a chòrr a ràdh no eisdeachd togar eallach de 'n t-sithinn air a' mhuin, 's tàrrar dhachaidh

[TD 51]

[Vol. 6. No. 7. p. 3]

cho luath 's gu 'm b' eudar do 'n Fheinn Caoilte chur as a dheaghaidh a chumail seallaidh air. An uair a bhiodh Caoilte air an

darna fàireamh bhiodh an Luidreagan air an fhàireamh eile; agus mar sin gus an d' ràineas an tigh. Cha d' rug Caoilte riabh air; ach bha 'n t-ana-cothrom aige: bha aige ri feitheamh gus an tigeadh an Fheinn 's an t-sealladh, agus a rithist tàrrsuinn an deaghaidh an Luidreagain. Ach a dh' aindeoin an cabhaige, 's cha bu bheag i, bha an t-sithionn air a gréidheadh rompa aig a' chòcaire ùr.

Bha iad fhein 's an Luidreagan a' tighinn air a chéile gu gasda-cha d' fhuair iad còcaire riabh cho math ris. Ach coma, cha do ghabh e ach muinntireas bliadhna, 's cha robh a' bhliadhna fada dol seachad. An uair a ruith an ùine, thuirt Fionn ris an Luidreagan ainm a chur air a thuarasdal. "Ma ta," ars esan, "fhuair mi cho suairce fiachail thu fhad 's a thug mi fo d' fhàrdoich 's gu'r beairt is suaraiche dhomh d' aoighealachd a dhìol le cuid oidhche thoirt dut." Bha fios aig an Luidreagan gu math gu'n cumadh Fionn a ghealladh, agus thuirt e ris gu 'n robh e ag cur mar chroisean 's mar gheasan air dol gun ghille, gun chù, gun duine ach e fhein 'n a ònrachd, 's oidhche chur seachad aige.

"Càite am beil do thigh," arsa Fionn.

"Tha an iomall an domhain," ars' an Luidreagan, "'s bì-sa 'g a iarraidh gus an amais thu air," agus ghabh e a chead diubh.

"Cha mhi nach d' aithnich gu 'm faodadh an achanaich a bhi trom," arsa bial na h-ìomchoire, Conan.

Cha robh comas air. Bha Fionn a nise deas air son falbh. Thuirt an t-amadan ris: "Co a bheir biadh dhomhsa gus an till thu?" "Bheir am fear aig am fàg mi ordugh na Feinne," arsa Fionn. "O, nach fhaod mi dol comhla riut," ars' an t-amadan. "Is duine thu," arsa Fionn, "Nach leig thu Bran ann, ma ta," ars' an t-amadan. "Is cù e," arsa Fionn. "Nach toir thu, cia dhiubh, leat slabhraidh Bhrain, ma's dìon an cù, 's dìon a shlabhraidh," ars' an t-amadan. Thog Fionn air, 's thug e leis an t-slabhraidh.

Shiubhail e cian fhada, 's fada nan cian, a's làn fhada air forfhais an tighe, gus mu dheireadh an d' ràinig e tigh rìgh Lochlunn. Cha d' rinneadh furan no faoilte ris; is ann a ghrad-iarr an rìgh air fichead de na bh' air a làimh dheis éiridh 's a cheangal. Dh' éirich iad, 's cha d' fhàgadh cathair gun bhristeadh no tarrang gun fheachdadh, 's a' chuid nach do phronn Fionn de na fir, chuir e ceangal nan trì chaol orra. "Eireadh dà fhichead de na th' air mo làimh chlà," ars' an rìgh, "'s ceangladh iad am farbhalach." Dh' éirich iad, ach cha b' fhada gus an robh iad air dìol chàich. "Eireadh ceithir fichead agus ceangladh iad e," ars' an rìgh a rithist. Dh' éirich iad sid, 's cha d' fhàgadh cathair gun bhristeadh, no tarrang gun fheachdadh 's rinneadh Fionn a cheangal. Thilg iad an sin fo'n chomhla e. Gach uair a dh' fhosgladh i cha 'n fhàgadh i rib chraicinn air eadar mullach a chinn agus buinn a chas; 's an uair a dhùineach i chuireadh i rithist air ais air e. Gu tuilleadh pianaidh a thoirt da, bhathas a' tilgeil chnàmh air, agus an sin bhiodh na coin a'sabaid air a mhuin 's 'g a thoirt as a chéile 'n a shreòicean. Is ann mar sin a chuir Fionn seachad an

oidhche, 's bu daor a cheannach air muinntireas an Luidreagain.

Bha mac de 'n t-Seanghall-eòlach air fear de 'n chuideachd, 's 'n uair a chaidh e dhachaidh 's a' mhadainn, thuirt e ri 'athair gu'n robh an t-aon duine bu bhriagha chunnaic e riabh air an aon dìol bu mhiosa chunnaic no chual e riabh, an raoir an tigh an rìgh 's thuirt e ris nach b' fhiach leis fhein a leithid a dhianamh air duine sa bith; air Fionn Mac Cumhail fhein mo dhearg nàmhaid, cha dianainn e-b' annsa leam a chur thun a' choin-ghlais aig Airc mac Donaich mhic Lir-loisgidh esan e le aon toth dh'a anail, mar uidhe sheachd mìle dha. Dh' aontaich an rìgh so a dhianamh, agus thug iad Fiona leò brùite, créuchdach mar a bha e, an coinneamh a' choin-ghlais. An uair a dh' fhairich Fionn an cù a' tighinn thog e slabhraidh Bhrain 'n a làimh. An uair a chunnaic an cù Fionn 's ann a thainig e shodal ris, agus cha leanadh e duine no bean ach e. Co b' e an cu glas ach bràthair do Bhran. Ghoid na Lochlunnaich e air an Fheinn 's e 'n a chuilein. An sin chaidh Fionn a dh' fhuireach do thigh Airc mhic Donaich mhic Lir, 's thug e là a's bliadhna ann, 's an cu-glas ag glanadh a chréuchd 's a' leigheas a lot, gus mu dheireadh thall an d' rinn e luim air corn-nam-fiùth a shéideadh.

Bu dubhach, cianail an Fheinn fad na h-ùine sin a' feitheamh ri sgial bho Fhionn; 's bu shubhach aobhach iad ri cluintinn sgal a' chuirn-ged a bu mhanadh na h-éiginn e, bu rabhadh gu fuasgladh, a's thog iad orra 's an Treachail-mhara null thair tuinn do Lochlunn.

Bha buaidh na h-aoidhe riabh air Fionn an sòlas 's an dòlas, ri coigrich 's ri dàimh, agus, 'n a eirpleach mar a bha e, thàlaidh e cridhe Airc 's a mhuinntreach, 's bha iad uile fìor chaoimheil ris. Là dh' an robh bean-an-tighe 's a' choillidh a' bleoghan nan gobhar, faicear i na h-aon daoine b' eireachdaile chunnaic i riabh ag caitheamh chleas air an tràigh. Mu 'n gann a cheangail i an t-imdeal air a' ghogan, thugar i as 'n a ruith 's 'n a leum dhachaidh; 's thuirt i ri Airc 's ri Fionn gu 'n robh na h-aon daoine bu bhriagha chunnaic i riabh ag caitheamh chleas air an tràigh, 's gu 'm b' fhiach dhaibh dol a dh-aon ghnothach g' am faicinn. Dh' fhaighnich Fionn ciod a bu choltas daibh. Dh' innis a' bhean chòir an dealbh 's an dreach mar a b' fhearr a b' aithne dh'i; "ach," ars' ise, "tha aon lasgaire mùirneach, donn ann, 's mar is math mo chuimhne, 's e Diarmad a chuala mi iad ag ràdh ris-an t-aon duine 's àluinne air an do leag maighdean a sùil, no, ge mòr am facal e, a sheas riabh air tràigh Lochlunn.

Thuig Fionn gu math co b' iad na suinn a bh' air an tràigh, 's togar air g' an ionnsaidh. Is dearbh gu 'n robh mùirn a's aighir air an Fheinn, 's nach bu lugha othail nan con, an uair a ràinig Fionn. An uair a dh' aithris e dhaibh gach allaban, a's mìomhadh, a's drochd-ghiollachd a fhuair e, agus cruadal a sheas e bho 'n a dhealaich iad, thog iad socag thalmhainn, 's dh' éubh iad "aichmheil."

Cha do leig Fionn leo an aichmheil a thoirt am mach-cha b' fhiach leis; ach an deaghaidh dhaibh taing a's buidheachas a thoirt do dh-Airc air son 'aoidheachd, thug iad air an rìgh dol 'n am mèinn agus mathanas iarraidh. An sin thog iad na siùil 's an Treachail-mhara,

's chuir iad an cùl ri tìr nan geas; ach cha b' ann a dheòin Chonain -b' àill leis-san nach fàgadh iad ceann air coluinn, no crom, no clach, no fardach gun chreach 's gun losgadh.

An uair a chaidh iad air tìr, chuir iad ri theine tigh Abhchain bhig na bruinne: a's chuir iad a rithist an t-sealg air cùl Bheinn-Eidir. Rinn iad fleadh mòr, mùirneach, aighireach, 's thug iad cuireadh do 'n càirdean uile, 's do 'n daimhich, a's mhair e là a's bliadhna, agus ma 's fhior na chualas cha tig 's cha d' thàinig a leithid eile.

COMHRADH

EADAR MURACHADH BAN AGUS COINNEACH CIOBAIR.

(Air a leantuinn.)

M.—Sin thu fein, a Choinnich, feumaidh sinn la air chor-eigin an deigh so do chluinntinn ri rannaireachd, agus a' gabhail oran, ach leigidh sinn leo sin aig an am so, gus an cluinn sinn tuilleadh mu Eirinn. Ach a nis, co a chual no 'chunnaic thu anns an rioghachd sin air do thurus, a dhearbhadh dhuit gu 'm bheil muinntir na tìre sin ni 's geur-bhriathraich, agus ni 's ealanta ann am freagairtibh na muinntir eile?

C.—Cha robh mise fad anns an duthaich sin mar a ta fios agad; ach an deigh sin, thachair mi air na h-uiread a thug barrachd gaireachdaich orm na 's urrainn mi a chur an ceill, agus na 'n tuiginn iad gu ceart, cha 'n eil fios agam ciamar a dh' fhàgadh iad mi. Air dol a stigh dhomh la araidh do bhuth greasaich, bha Eireannach bochd an sin, a bha air a sharuchadh co mor 's gu 'n robh 'fhallus fein 'g a dhalladh, a' tarruing air a chosaibh botan ura a bha tuilleadh 's teann dha. Mu dheireadh, a' lasadh le corruich, thilg e air falbh uaith iad gu ceann eile an tighe, agus ghlaodh e a mach ris a' ghreasaich, "Ochan! cha 'n fhaigh mise na botan tubaisteach sin orm gu brath, gus an caith mi la no dha iad air mo chosaibh an toiseach!"

M.—Bha sin gasda da rìreadh, a Choinnich, agus bu mhaith an airidh Pat bochd air na botan fhaotuinn na 'n rachadh iad idir

(Air a leantuinn air taobh 54.)

[TD 52]

[Vol. 6. No. 7. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00
Sia mìosan,50
Tri mìosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 18 OGUST, 1897.

A reir coltais tha Iubili na Ban-rìgh'nn an deigh feum a dheanamh do Chanada; tha muinntir Bhreatuinn na's fiosraiche mu Chanada agus mu na <eng>colonies<gai> eile na bha iad riamh roimhe. Rinn Laurier, Promhair Chanada, a bhi thall, agus a labhairt ann an caochladh àiteachan air feadh na rioghachd, moran fiosrachaidh a thoirt do'n t-sluagh mu thimchioll na dùthcha so. Bha iad roimhe so dhe'n bharrail gu'm bu dùthaich Canada nach robh comharraichte air son ni sam bith ach fuachd agus sneachda, ach tha iad air atharrachadh beachd a nise; tha fhios aca gur a dùthaich i a tha anabarrach saoi bhir ann an iomadh dòigh, agus gu bheil i air a h-àiteach le sluagh a tha cho dileas do chrùn Bhreatunnn riutha fhéin. Tha sin uile gu math, agus cha'n urrainn nach dean e cuideachadh le Canada. Aon rud a thatar a smaoinichadh a ni e, bheir e airgead Breatunnach a nall na's pailte na bha e roimhe so, bidh mèinnean ùra air am fosgladh leis, bidh ròidean-iaruinn air an togail, agus bidh iomadh obair eile air a cur air adhart nach gabhadh cur air adhart roimhe so le cion airgeid. Ma thig so uile mu'n cuairt, bidh cuimhne aig Canada air Iubili na Ban-rìgh'nn iomadh latha 's bliadhna ri tighinn.

Chaidh Priomh Mhinistear na Spàinne, <eng>Senor Canovas del Castillo,<gai> a mhort Di-dònaich s'a chaidh. Bha e ann am baile beag d' am b'ainn <eng>Santa Aguedo,<gai> far an robh e dol a chur seachad tri seachdainean air son a shlàinte. Loisg am mortair tri urchraichean air, agus chaidh fear de na peilearan 'na cheann agus fear eile 'na uchd. Thuit e aig casan a mhnatha a bha còmhla ris, agus an deigh dha pian mor fhulang fad uair, chaochail e. B'iad na briathran mu dheireadh a labhair e, "Gu ma fada beò an Spàinn." Chaidh am mortair a ghlacadh air ball; thug e seachad mar ainm dha fhéin Rinaldi, ach thatar a' deanamh dheth nach e sin 'ainm idir, ach Colli. Bha e a feitheamh air son an gnìomh oillteil a dheanamh agus cha do loisg e gus an robh e cinnteach gu'n rachadh aig air cuimse cheart a dheanamh. Bha an Priomhair 'sa bhean air tilleadh as an aoifhrinn, agus bha e leughadh 'sa seanchas 'nuair a chaidh a thilgeadh. Tha am mortair ag radh gu'm buin e do bhuidheann dhaoine a tha air son riaghladh na Spàinne a chur bun os ceann, agus gu'n d'

rium e an gnìomh ud mar dhioghaltas air son àireamh de chompanaich a chuireadh gu bàs o chionn ghoirid.

Tha Riaghladh Chanada a' bruidhinn air tigh stòrais a thogail ann an <eng>Klondyke,<gai> tigh anns an ceannaichear an t-òr bho na méinneadairean gu bhi air a chur ma seach gus am faighear dòigh air a thoirt gu àite 's an deanar feum dheth. Gheibheadh na méinneadairean a luach air a shon ann an airgead Chanada no airgead nan Stàitean. Bhiodh sin 'na dheisealachd mhor do na méinneadairean, agus ma ni an Riaghladh a leithid a thigh a chur suas, mi iad an rud a b'fhearr a ghabhadh deanamh, oir cha bhi aig an fear obrach an uair sin ri tilleadh dhachaidh le phocan òir mu'n faigh e a chuid airgeid air a shon, ach gheibh e a chreic cho luath 'sa bheir e as an talamh e. Tha an Riaghladh mar an ceudna a' cur mu dheibhinn an t-àite a bhi air a chumail fo rian lagha, ni a tha gle iomchuidh, oir le sin a dheanamh, cha bhi an <eng>Klondyke<gai> idir cho mi-riaghailteach 'sa bha àiteachan eile do'n do dhòirt mòran sluaigh ann an ùine ghoirid; bidh beatha agus cuid dhaoine sàbhailte gu leòr ann.

Ged a tha <eng>Iceland<gai> cho fada tuath tha e moran na's blàithe na dùthchannan eile tha 'san aon àirde ris. 'Se tha dianamh sin, amhuinn bhlàth a tha ruith troimh 'n chuan Atlantach ris an canar an <eng>Gulf Stream;<gai> tha 'n amhuinn sin a falbh à <eng>Gulf<gai> Mhecsico, agus a dol a tuath; tha i bualadh air cladaichean <eng>Iceland<gai> am measg dhùthchannan eile, agus air a tàilleabh tha fiar agus bàrr eile a fàs gu math anns an dùthaich. Tha moran de 'n t-sluagh a deanamh an beòthachd air togail spréidh us chaorach. Thatar a' cur moran de na caoraich do Bhreatunn na h-uile bliadhna. Cha'n eileas a' lomradh nan caorach idir, ach toiseach an t-samhraidh tha iad a' cur na cloimhe. Tha i air a trusadh an sin 's 'ga cur gu feum.

Tha rioghachdan mora na Roinn-Eòrpa a tarruinn ùine mhor ann an réiteach chùisean eadar a' Ghréig 's an Tuirc. 'S i 'n fhirinn nach eil iad reidh am measg a cheile; 'nam bitheadh 's fhada o'n bha an Sultan air striochdadh dhaibh, ach mar a tha, cha'n eil e ach a' deanamh fanoid orra.

Tha dotair ann an San Francisco ag radh gu bheil e air leigheas fhaotainn do'n mhisgeireachd. Tha e air stuth a dheanamh air fuil eich, a chuireas miann na dibhe làidir a pòraibh duine gu h-iomlan, agus a dh'fhàgas e mar nach do dh'òl e boinne riamh.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.

Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prìsean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada.
Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 53]

[Vol. 6. No. 7. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh fear Tòmas Màrtuinn a bhàthadh ann am Boston air a 24mh latha de dh' Iulaidh. Bhuineadh athair, nach eil beò, do Shidni. Tha a mhàthair agus a' chuid eile de 'n teaghlach ann am Boston.

Chaidh fear Seumas Mac-a-Phearsain a ghoirteachadh anns a Mhèinn a Tuath a sheachdain gus an Di-màirt s'a chaidh, agus chaochail e an ceann latha no dha. Chaidh a thiodlacadh Di-màirt s'a chaidh; bha còrr us ceithir cheud duine air an tòrradh aige.

Tha barrachd choigreach air chuairt ann an Ceap Breatunn air an t-samhradh so na bha ann o chionn iomadh bliadhna. Tha na taighean-òsda air an lionadh, agus ann am <eng>Baddeck<gai> gu h-àraidh, tha aig feadhainn dhiubh ri dhol air feadh nan taighean, oir cha 'n eil rum dhaibh anns na taighean-òsda idir.

Chaidh gill' òg, Aonghus Mac Neill, a ghoirteachadh gu dona anns a' Mhèinn a Tuath, Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh, le a chas a dhol an sàs eadar da charbad guail. Bha a chas air a prannadh cho dona 's gu'm b' fheudar a toirt dheth. Is mac e do Niall Mac Neill, air an d' thainig bàs gle aithghearr an Sidni Tuath air a' cheud latha dhe 'n mhios.

Chaidh fear Seumas H. Nixon, a mharbhadh leis a charbad-iaruinn ann am Moncton, N. B., Di-satharna s'a chaidh. Bha e 'g obair mu na carbadan mar bhrakesman. agus bha e 'na sheasamh air an rathad 'nuair a thainig carbad air a chùlaobh, a chaidh thairis air, 'ga ghearradh 'na dha leith, 'sa deanamh prannadh uamhasach air. Bha e beò da fhichead mionaid an deigh an sgiorraidh, agus bha comas bruidhne aige pairt de 'n ùine. Bha e seachd bliadhna fichead a dh' aois, agus bha e roinn mhòr a bhliadhnaichean air an rathad.

Chaidh duin' òg d' am b' ainm <eng>Ottis Dickey,<gai> a bhàthadh ann an <eng>Canning, N. S.,<gai> aon la air an t-seachdain s'a chaidh, 'se snàmh anns an amhuinn. Bha e da bhliadhn' air fhichead a dh' aois. Aig <eng>Bear River,<gai> an siorrachd <eng>Digby,<gai> bha nighean òg, Ethel Clarke, da bhliadhn' deug a dh' aois, air a bàthadh 'si snàmh mar an ceudna. Ann a <eng>Nepigon,<gai> an <eng>Ontario,<gai> bha an t-Urr. Alasdair Grannd, ministear

Baisteach a mhuinntir <eng>Winnipeg,<gai> air a bhàthadh seachdain romh 'n Di-ciaduin 'sa chaidh, le canù anns an robh e 'g iomaradh a dhol thairis. Tha iomadh neach a call a bheatha anns an uisge m' an àm so dhe 'n bhliadhna.

Thainig bàs muladach air fear <eng>Eli Worth,<gai> ann an <eng>Rossland, B. C.,<gai> air an 29mh latha de 'n mhios a dh' fhalbh. Bha e 'g obair ann am mèinn ùir a bha e fhéin us feadhainn eile fosgladh, agus chaidh esan sìos a dh' obair do 'n toll, anns an robh moran uisge. Bha aige ri obrachadh air seorsa de sgeilp a bh' anns a mhèinn os ceann an uisge, agus an deigh dha dhol sìos thug e rabhadh do fhear de chompanaich a' bhucaid a thoirt suas as an rathad air. Rinneadh sin, ach ghabhadh àmharus air ball nach robh gach ni ceart, agus chaidh fear no dithis de na daoine sìos. Bha iad shìos coig mionaidean an deigh do 'n bhucaid a bhì air a tarruinn suas. Fhuair iad <eng>Worth<gai> fodha anns an uisge; thugadh suas e cho luath 'sa ghabhadh deanamh, agus rinneadh gach dichìoll air a thoirt uige, ach bha an deò air fhàgail. Thatar a' deanamh a mach gur e droch àile a bh' anns a mhèinn a thug laigse air, agus mar sin chaill e a bheatha. Bha dithis bhràithrean dha ag obair faisg air laimh, agus bha iad ri thaobh beagan an deigh do 'n sgiorradh tachairt. Bhuineadh <eng>Worth<gai> do Mhabou, air an eilean so, far an d' fhuair e bhreith us àrach. Chaidh adhlacadh leis na h- <eng>Oddfellows,<gai> agus chaidh clach a chur aig ceann na h-uaighe, agus caibeal grinm m'a timchioll.

Tha còrr us da cheud gu leth tigh ann am baile Halifax gun duine fuireach annta, mu thri fichead a bharrachd air na bha mar sin an uiridh; agus tha ceud us ceithir air fhichead de bhùithean-ceannachd dùinte am bliadhna an àite ceud 'sa tri an uiridh.

Tha am bradan cho pailt ann an cearnan de Cholumbia Bhreatunnach 's gu faighear fear a thomhaiseas fichead punnd air da shent. Thatar 'g an tilgeil 'nam miltean air ais dh' an uisge, le cion 's nach faighear creic dhaibh. Shaolamaid gu sguireadh iad a bhì 'gan glacadh idir.

Chaidh corp duin' òg d' am b' ainm Iain D. <eng>Hunter<gai> fhaotainn faisg air <eng>Winnipeg<gai> o chionn ghoirid, agus gunna ri thaobh. Bhatar a' smaoineachadh an toiseach gu 'm b'e tigh'nn ri bheatha fhéin a rinn e, ach tha amharus làidir a nise gur e mhort a rinneadh, agus gur e companach dha fhéin a rinn e.

Tha moran sluaigh a sìor fhalbh gu <eng>Klondyke.<gai> Ged a tha 'n geamhradh a dlùthachadh, agus nach fhada 'n ùine gus am bi na h-aimhnichean air reothadh anns an dùthaich fhuar ud, cha 'n eil sin a' cur tilleadh sam bith air luchd-sìridh an òir. Tha Riaghladh Chanada a' cur a mach buidheann de mhaoir-sithe gus rian a chumail air an t-sluagh.

Tha àireamh mhor de mhèinneadairean guail 'nan tàmh anns na Stàitean o chionn còrr us mìos, a' diùltadh obrachadh gus an réitichear cùisean eadar iad fhéin 's luchd-seilbh nam mèinnean. Tha gnothuichean air fas gle mhi-rianail ann an aiteachan. Ann an

cearnan de Illinois, tha an lagh sìobhalta air a chur a thaobh, agus lagh an airm air a chur 'na àite; tha na mèinneadairean air campachadh mar gu 'm biodh feachd airm, agus ann an àite no dha tha còrr us mìle dhiubh cruinn. Tha iad a' cur rompa nach leig iad le car obrach a bhi air a dheanamh anns na mèinnean gus an teid iad fhéin air an ais.

Tha duine tha sgrìobhadh gu <eng>Casket Antigonish,<gai> á <eng>Glace Bay,<gai> ag radh gu bheil a fuireach anns an àite sin càraid a tha gu math aosda, Micheil Mac Neill, agus a bhean. Tha esan ceud bliadhna 'sa dha a dh' aois, agns ise ceud 'sa dha dheug. Tha iad le cheile gu slàn, fallain, agus coltas orra gu mair iad àireamh bhliadhnaichean eile. Rugadh iad 'san ochdamh linn deug, agus 'se 's dòcha gu faic iad an fhicheadaibh linn. Tha Micheil fhéin a h-uile latha a' coiseachd mìle dh' astar do 'n aoifhrinn. A's t-earrach s'a chaidh, chuir e leis fhéin da bhuisseal buntàta, agus thug e 'n leasachach a chaidh air do 'n 'phàirce le barra-roth.

Iadsan a Phaigh.

Bantrach Iain Mhic Dhiarmaid, <eng>Stirling.<gai>

Iain I. Mac Neill, Gleann Bharra.

Iain D. Mathanach, <eng>St. Peter's.<gai>

\$3.00

An Siorram <eng>Buchanan,<gai> Sidni.

\$2.00

Iain M. Mac Fhearghais, <eng>Port Morien.<gai>

Murchadh Domhnullach, Ceap Nor.

Aonghas Domhnullach, an t-Eilean Mor.

Alasdair Domhnullach, Amhuinn a Bhradain,

50c

Ceit R. Dhomhnullach, <eng>Catalone,<gai>

40c

Tormaid Mac leoid, Meinn <eng>Victoria.<gai>

Domhnull Mac Ille-ghlais, <eng>Stellarton, N. S.<gai>

Eachunn Mac Fhionghain, <eng>Stellarton, N. S.<gai>

D. Mac Rath, <eng>Vancouver, B. C.<gai>

Iain <eng>Skinner, Ottawa, Ont.<gai>

\$4.00

I. S. Mac Ille-dhuibh, <eng>Pomona.<gai>

Seumas A. Mac Ille-mhaoil, Eileanan Coille, E. P. I.

Dr. Fearchar Mac Fhearghais, <eng>New York.<gai>

\$2.00

Iain G. Mac Eachuinn, <eng>Woburn, Mass.<gai>

Iain Rothach, Rudha Mharsden, <eng>New Zealand.<gai>

Alasdair <eng>Kempt, Waipu, New Zealand.<gai>

Cailean Siosal, Lunnuinn, Sasuinn.

<eng>Miss M. M. Bartlett,<gai> Lunnuinn, Sasuinn.

Tearlach Mac Aoidh, Lunnuinn, Sasuinn.

(3)

Ian Mac Coinnich, Lunnuinn, Sasuinn.

(7)

<eng>E. Hepburn,<gai> Lunnuinn, Sasuinn.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim
.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

CARADH

Uaireadairean
Glanadh,

\$0.50
<eng>Mainspring,<gai>
.60

An da chuid,
1.00

<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.
<eng>Baddeck, C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prisean ura.

A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 54]

[Vol. 6. No. 7. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 51.)

m'a chosaibh, ach ciod tuilleadh?

C.—Ciod tuilleadh! So agad, ma ta, a Mhurachaidh: Bha balach beag Eireannach aon la air an t-sraid a' ranaich gu goirt an uair a chunnacas e le ban-tighearna sheirceil a' bha 'gabhail na slighe. Labhair i ris, agus thubhairt i, "Ciod a tha 'cur ort, a bhrogachain thruaigh, an uair a tha thu a' gal mar sin?" "Tha mi 'gal a chionn gu 'n do chaill mi sgillinn a thug mo mhathair dhomh an diugh." "Bi samhach, bi samhach, mo ghiullan bochd, agus so dhuit sgillinn eile 'n a h-aite," agus dh' fhalbh i. Cha deachaidh i ach beagan shlat air a h-aghaidh an uair a chual i am brogach ag eigheach ni 's cruaidhe na rinn e riamh. An sin, phill a' bhan-tighearna gu h-ealamh air ais, agus dh' fhoighneachd i dhe 'n bhalachan ciod a bha cur air a ris; agus thubhairt e, "Tha dìreach so, a bhean-uasail, mur caillinn a' cheud sgillinn, bhiodh a nis da sgillinn agam."

M.—Bha am brogach bochd airidh air an sgillinn eile fhaotainn, agus a reir coslais fhuair se i. Ach a nis, a Choinnich, faigheamaid aon sgeul eile, agus an sin bithidh sinn, le beannachd, a' bogadh nan gad.

C.—Na 'n ceadaicheadh uine bheirinn na ficheadan dhe 'n leithidibh sin duit, a Mhurachaidh, a chunnaic mo dha shuil fein; ach aig an àm so foghnaidh aon sgeul eile. Bha Eireannach ann an ait' araidh, cha 'n eil cuimhn' agam air 'ainm, ach rinn e cordadh air son suim shonraichte airgid chum tobar a chladhachadh ann an ionad a chaidh fheuchainn da; agus bha 'n toll gu bhi da fhichead troidh ann an doimhne, chum an t-uisge a ruigheachd. An uair a chladhaich e sios dluth air an doimhne sin, thainig e air maduinn mhoich, agus chunnaic e gu 'n do thuit an uir a stigh gus an robh an toll gu bhi lan, agus ochan, is e a bha cianail, dorrnach da rìreadh. Ach ghrad bhuaill innleachd 'n a cheann ciod a dheanadh e. Sheall e mu 'n cuairt da air gach taobh, agus cha 'n fhac e mac mathar am fad no 'm fagus. An sin, thilg e dheth a' chuid a's mo dhe 'n eudach aige, agus chroch e suas air craoibh e goirid o bheul an tuill, agus dh' fholuich se e fein ann am meadhon pris a bha am fochair an tobair. Cha b' fhad gus an d' thainig muinntir an rathad, agus chunnaic iad an toll air a lionadh leis an ùir a thuit a stigh, agus bheachdaich iad air an eudach aig Pat bochd air a' chraoibh. Thogadh glaoth cianail, agus ruith iad thall 's a bhos a chruinneachadh sluaigh, oir cha robh teagamh aig neach, nach do thuit an uir a stigh, agus nach do mhuchadh Pat bochd ann an iochdar an tuill. Chuir iad ris gu maith agus gu ro-mhaith. Chruinnich iad cuinneagan, agus taoid, sluasaidean, agus gach inneal air am b' urrainn iad greim a

dheanamh, agus dh' oibrich iad gun sgios gun sgur, agus ann an uine nach robh fada, rainig iad grunn an tuill, ach bha iongantas gun choimeas mor orra nach robh Pat Murphy ri fhaicinn an sin beo no marbh. Air do 'n obair a bhi crìochnuichte, ghluais Pat gu ciuin, socaireach a mach as a' phreas, agus thug e moran taing do 'n luchd-oibre air son an caoimhneis agus an dichill ann an cuideachadh leis mar a rinn iad.

M-Mile taing, slaint is furan duit, a Choinnich, is gle thaitneach na nithe sin uile, an uair a bhios iad air an deagh aithris, mar a rinn thusa. Ach tha mi 'n dochas gu 'm bheil la maith eile a' tighinn fathast, agus gu 'n comhlaich sinn a ris r'a cheile, chum barrachd naidheachd a bhi againn. Ma tha thu 'cur romhad an Goirtean-Fraoich a thoirt ort an nochd, cha 'n eil uine ri chall oir tha 'n t-slighe fada, agus an rathad garbh. An dochas gu 'm faigh thu Seonaid, na paisdean, agus an crodh, gun dith, gun deireas; beannachd leat, a' charaid dhilis; agus gu 'm bu maith a ruigeas tu dhachaidh!—ALASDAIR RUADH 'sa Ghaidheal.

NA H-AOIREAN.

(Air a leantuinn.)

Cha'n 'eil teagamh nach 'eil baigh againn ri ceol na pioba nach tuig coigrich; agus cha'n ioghnadh e. Tha a sgal ceangailte ris gach gnìomh 'n ar n-eachdraidh is toigh leinn a bhi gleidheadh air chuimhne. Sheinn ar baird a cliù. Is cuimhne leat mar thuirt Mairi-nigh'n—Alastair—Ruaidh:

“Piob nuallanach mhòr,
Bheireadh buaidh air gach ceol,
'Nuair ghluaiste' i le meoir Phadruig.”

Agus Donnachadh Ban:

“'S i piob nam feadan siubhlach,
A bhuidhneadh cliù 's a champ,
Air thoiseach nan laoch ùra
'S meoir lughmhor dlù 'n an deann.” &c

Chuir Tormoid Mac Leoid, 'n a chanain bhlasda fein, ann am beul Fhionnlaidh Phiobaire, a bhaigh ris a' cheol so. Gu ma fada bhuainn an latha anns a labhair Gaidheal suarach mu'n phiob, no anns an eisd e r'a sgal gun togradh. O chionn iomadh ceud bliadhna tha i fuaighte r'ar caithe-beatha air doigh ro shonruichte, Cha bhiodh, o shean, cuideachd cruinn gun am piobaire, co-dhiu a b'e aighear no bròn a ghluais orra. Aig gach àm a bu chudthromaiche agus a bu sholuimte ann an caithe-beatha ar n-aithrichean bha a' phiob agus am piobaire a lathair a thogail an sunnd no a dh'eutromachadh sac a' bhroin. Aig bangaid, aig banais, agus aig tiodhlacadh cha tigtheadh as a h-eugmhais. A mach ás an rioghachd cha'n 'eil cearn de'n t-saoghal air an do chuir Gaidheal a chos, agus co an cearn air nach do chuir e chos, anns nach cualas nuallan ard na pioba. Neartaich i mhisneach

agus thog i chridhe ann an iomadh tìr chein agus air iomadh laraich chruaidh. Cha chomharra maith air a' Ghaidheal ma bhitheas e call a thlachd de'n phiob.

Creididh mi gur gann a bha uiread meas aig na baird air na piobairean agus a bha aig a' chorr dhe'n t-sluagh. Ach cha saoil mi gu'n dearbh an dà aoir a dh'ainmich mi gu'n robh a' phiob agus na piobairean suarach ann an suilean nam bard. Bha Niall Mac Mhuirich air ùr thilleadh á Eirinn. Bha e 'n a luidhe leis a' bhrìc, agus 'n a chodal. Thainig dithis de Chloinn-Artair an rathad; shuidh iad air gleusadh am pioban. A nis cha toilinntinn mhor sam bith do neach tinn a bhi air a dhusgadh ann am bothan cumhann, le dà piobaire a' gleusadh an cuid phiob. Cha robh Mac Mhuirich toilichte agus, tinn agus mar a bha e, thoisich e air innseadh sloinneadh na pioba ann an rann. B'e aodraman muice a cheud mhala; an sin craiceann seana mhuilt.

“Cha robh an uair sin anns a' phiob,
Ach seannsair agus aon liop,
Agus maide chumadh nam fonn
Da'm b'ainm an sumaire.”

Uaithe sin chinn na trì chroinn

“Fear dhiu fada, leobhar, garbh,
Ri durdan reamhar ro shearbh.”

Ach 's e “Piob sgreadanach Iain Mhic Artair” agus “crannaghail bhreòite” Dhomhnuill Mhic Artair a dhuisc corruich a' bhaird agus a fhuair a chuid mhor d'a rann eisgeil. Chuir am bard, ma's fìor an sgeul, an teicheadh air na piobairean.

Air a cheart doigh cha b'e run Iain Mhic Codruim a bhi caineadh nam piob no nam piobairean, ach a mhain piob Dhomhnaill Bhain, agus Domhnall Ban fein mar phiobaire:

“Cha'n abair mi tuillidh,
Gu di-moladh phioban,
Ach leigidh mi chluinntinn,
Gu'n phill mi Mac Phail.”

Tha e coltach gu'n do rinn fear Iain Mac Phail oran a' moladh Dhomhnaill Bhain agus a phioba. Ma dh'fhaodte nach robh moran suim aig Mac Codrum do Mhac Phail, agus cha robh a bheag de mheas aige air Domhnull Ban. Co-dhiu cha do chord ris mar a mhol am bard am piobaire:

“Dh'fhag e Mac Cruimein,
Clann-Duilidh 'us Tearlach,
'Us Domhnullan Bàn,
A tharruing gu prìs.”

Tha am bard a' toirt dhuinn eachdraidh na ceart phioba so:

“Diudhadh nam fiuidhidh
Bha aig Tubal Cain,
Nuair sheinn e puirt Ghaidhlig
'S a dh'alaich e phìob;
Bha i tamull fo'n uisge
'Nuair dhruideadh an airce,
Thachair dh'i cnamhadh
Fo uisge 's fo ghaoith.”

Bha i treis aig Balàam a reir coltais; agus chuir e iongantas orm nach dubhairt am bard gur e ràn na crannaghail so a chuala am faidhe breige an uair a shaoil e gur e 'n asail a bha labhairt. Bha a ceol searbh:

“Shearg i le tabhunn,
Seachd cathan nam Fianntan;
'S i lagaich a' chiad uair
Neart Dhiarmaid 'us Ghuill.”

[TD 55]

[Vol. 6. No. 7. p. 7]

Aig meud air baigh ri ceol na pioba cha bu mhaith leam gu'm rachadh “Di-moladh Piob Dhomhnuill Bhain” air di-chuimhne. Tha'n aoir cho maith agus gu'n faic sinn an call a tha againn nach 'eil “Aoir nan Taillearan,” a rinn Iain Mac Codrum ri fhaotainn.

Mar thuirt mi cheana, cha tig na h-aoirean Gaidhealach a nios ris a' chorr d'ar bardachd ann an cumhachd no ann am maise. 'S ann leis a chlàidheimh no leis a' bhiodaig a bu trice a fhreagrachd an seana Ghaidheal fochaid no mi-mhodh. Agus ged chaidh latha a' chlàidheimh agus na biodaig seachd cha d'thainig latha na teanga fathast. Cha'n fhaighear ann am moran aitean freagrachd na's deise agus na's geire na gheibhear anns a' Ghaidhealtachd. Cluinnear fearg 'us corruich ann an cainnt sgairteil 'nar measg gu tric. Ach togaidh an aoir guirean air aodann a' Ghaidheil an duigh, mar a dheanamh an Glam Dichinn air aodann an Eirionnaich o chionn coir agus mìle bliadhna. Thugadh thairis do na baird a bhi deanadh tair air na ciontaich. Mhi-bhuilich na baird an dleasdanas gu ro-thric; agus cha d'fhas e na b'usa leis a' Ghaidheil an aoir fhulang. Tha mi smuaineachadh gu bheil cearn no dhà meag gu bheil so duilich air doigh no dhà d'ar caithe-beatha a b'fheairrde a bhi air a rannsachadh ann an spiorad na h-aoir. Tha moran de leanabas, de fhein-speis, de fhaoineis shuarach 'nar measg nach maireadh beo seachduin na'm biodh an aoir air a h-uisneachadh 'n ar measg mar bu choir dh'i.—D. M'K. 'sa Ghaidheal, 1877.

Beannachd Dheireannach an Eilthirich.

LE EOBHAN MAC COLLA.

Bha long nan crann caol
Mach o Mhaol dubh Chinn-tìre-
Air bòrd bha iad lìonmhor
Dh' fhàg tìr nam beann árd;
Bha 'ghrian ait gu leòir,
Anns a' mhòr-chuan a' sioladh
Ciod uime tha mi-ghean
Air laoch a' chùil bhàin?
Cha 'n e an cuan dùmhail
Dh' fhàg Dùghall fo champar-
'S e fàgail a dhùthcha,
Fhliuch sùilean an t-seann-duin',
'S e 'coimhead, fad uaithe,
Nan cruach b' fheàrr leis teann air-
Tìr bhoidheach nam beann,
Ris nach till e gu bràth.

A dhùthaich mo rùin,
Arsa 'n diùlanach duaichnidh,
Co air nach biodh smuairean
A' gluasad o d' thaobh?
Droch dheireadh do 'n ghràisg
Tha 'g ad fhàsachadh 'n uair so!
'S e 'n droch-bheairt thug uam-sa
Gleann uaine mo ghaoil.
Mo chreach! o nach buan
Ar sean-uachdarain treunail,
'S am fonn bha 'n an sealbh
Nis aig balgairean breunail;
Tha Gàidheil 'g am fògradh
Mar cheò bhàrr do shléibhtean,
'S ma lean riut cinn-fheadhn',
'S ann air caoirich is féidh!

O Albainn! 'n àm dùsgadh
Thoir sgìùrsadh do d' nàimhdean,
Co eil' ach an Gàidheal-
Na Gàidheil 's gach cruas!
An cuimhn' leat gach cruaidh-chath
'S an d' fhuair iad buaidh-làrach.
'S a nis bhi 'g am fògradh
O d' chòrsa, 'n e 'n duais?
'G am fògradh air sgàth
Barrachd màil ann am pòca
Nan triath air bheag nàir'
Dh' fhàg 'n a fhàsaich tìr m' òige!
B' e 'cur eadar màthair
'S a ceud leanabh bòidheach,
B'e 'n rùsg thoir o'n chraoibh
Bhi an éiginn dol uait!

'Thir steallaireach, alltach,
Ard-choillteach, thiugh-sprèigheach-
Thir àiridheach, fhraoch-shliosach,

Ghorm-lochach, àrd;
'Thir bhreacanach, cheòlraideach,
Oranach, aoidheach,
Bu tu tir nan sgeul-
Dachaidh ghreadhnach nam bàrd!
Ach co an tir chéin
A ni 'n sgeulachd a dhùsgadh?
Co thogas dhuinn òran
Tim bròin no tim sùgraidh?
Co sguabas na teudan
Le caol-mheura siùbhlach,
No chuireas air seinn
Piob mhòr bhinn nan dos àrd?

O m' òige! 's tu mheall mi;
'S beag, aon uir, a shaol mi
Ri dachaidh mo ghaol
Bhi 's an dòigh so 'cur cùl-
Gleann gorm nan ban bòidheach
Fhuair còir air bhi beul-bhinn
Mar uiseag nan speuran
Tràth céitein nam flùr.
O m' anam! 'd e'm feum dhuit
'Bhi meòhrachadh suaimhneis-
Feall-shonas a dh' fhàg thu
Gu bràth is bu luath sin!
Cha phill e an t-òg-mhios
Air ròsan bhi 'bruadar;
O, imrich na truaigh,
B' fheàrr an uaigh leam na thu!

A rionnag ud shuas,
'S tuille 's luath rinn thu dùsgadh!
Tha 'n oidhche a' dùnadh uam
Dùthaich mo ghaoil;
Tha 'gheallach gu càirdeil
A snàmh thar a stùcan
Ach monadh no stùc
Nis do m' shùilean cha léir!
A lòchrana aoibhinn!
'S ann ribhse tha m' fharmad-
Ged ruaigeas an là sibh
A làth'r tìr nan garbh-chrioch,
Gu 'm pill sibh gu gàireach
'Chur fàilt' oirr' gach anamoch;
Mo thruaigh! cha bu shearbh
Ach bhi 'falbh uaip' a chaoidh!

A Bhan-rìgh nan cuan,
Beannachd buan leat! ach cuimhnich
An ath uair a dh' aomas
Luchd-streupa 'n ad dhàil,
Bidh d' ionndrainn, gun stàth,
Air na h-àrmuinn a sgaomadh

Do naimhdean mar sgaomas
Gaoth éitidh an càth!
Uair eile, 's gu bràth,
Beannachd bhlàth leat, mo dhùthaich!
Ged robh gu Là'-luain
Falach-cuain ort bho m' shùil-sa,
Gu deireadh mo chuairt,
Gearr no buan, bidh mi 'g ùrnuigh,
O! Ard-rìgh nan dùl,
Beannaich dùthaich mo ghràidh!

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE

E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 56]

[Vol. 6. No. 7. p. 8]

Laoidh.

Ri d' thaobhsa, Iosa, seasam fhéin;
Ad sheirbhis fanaidh mi a ghnàth;
Air falbh cha toir mi uiread 's céum;
Gach ré bidh gréim agam de d' làimh.

Beatha mo bheatha 's tu gu léir,
Smior m' anma agus m' uile chàil;
Mar shnodhach 'direach suas o'n fhreumh,
Tre mhèur na craoibh gu ruig a bárr.

Fan thusa dlùth dhomh 'n teas am là,
Bi dlùth 'n uair chromas sios a' ghrian,
Air feasgar 'n uair a shìneas sgàil,
'S an oidhche dhubh mu 'n t-saogh'l ag iadh'.

O càirich air mo cheann do làmh,
Trath tha mi airtneulach 's gun chlà;
Is beothaich mi, ri m' chridh' ag ràdh,
"Do m' dhachaidh àird bheir mis' thu 'n sith."

Bi dlùth, 's ad chaomh-uchd tog mi suas,
'N uair bhios mi 'crith roimh fhuachd a' bhàis-
Fuachd mar an oidhche reòdhta, chruaidh,
Aig eadar-sgarachdainn nan tràth.

'N uair dhùineas duibhre thiugh mu 'n cuairt,
Bi fhéin ad sholus air mo chéum,
Chum orm gum baoisg a' mhadainn shuas,
Mar 'dhachaidh dhàsan 'bha 'n tìr chéin.

Am Maraiche 's a Leannan.

LE MAIRI NIC-EALAIR.

FONN:—Nighean Bhan Dhail-an-eas.

O, 's mairg tha 'n diugh feadh garbhlaich,
'S ri falbhan a measg fraoich;
'Us gaithean gréin' gu h-òrbhuidh
A' dòrtadh air gach taobh.
Gu'm b'fheàrr a bhi air barr nan tonn
Air long nan cranna caol;

'S a' faicinn nan seòl ùra
Ri sùgradh anns a' ghaoith.

O, 'fhleasgaich òig, gur gòrach leam
Do chòmhradh anns an uair,
An fhraoch-bheinn ghorm ga 'samhlachadh
Ri gleanntan glas a' chuain;
'S gur tric is aobhar caoinidh leam
A h-aon dh' an d' thug mi luaidh,
'Bhi as mo shealladh fad air falbh
Air bharruibh garbh nan stuadh.

A rimhinn òg dh' an d' thug mi gaol,
B'e 'bhi ri d' thaobh mo mhiann,
Bho 'n chiad là riabh thug mi dhut speis,
Bu tu mo réul 's mo ghrian,
Ach taobh ri taobh, a luaidh ri d' ghaol,
Tha m' aigne 'g aomadh riabh.
Gu marcachd nan tonn dùghorm
A dh' aindeoin dùdlachd shian.

O, leam bu mhiann a bhi 's an luing,
'S an stiùir a bhi na m' làimh,
An uair bhios muir gu nualanach,
Na 'glinn's na stuadhan àrd,
A' brùchdadh barra-gheal fo a sròin,
'S le crònan seach a sàil;
I 'g éirigh eutrom air gach tonn,
'Us fonn oitre ri gair'.

I 'g éirigh eutrom air an t-snàmh,
Mar eala bhàin 's a' chaol;
Gach sgòd aice a mach gu 'cheann,
'S gach seòl a' tarrainn gaoith';
I 'falbh le cuinnein fiadhta
Thair tuinn a b' fhiadhaich gaoir,
Mar stéud-each cruideach, uaibhreach,
A thug mu 'chluasa 'n taod.

'Us ged a bhrùchdadh gaothan oirnn
Le neart nam Faoilleanach fuar,
'Us toirm na bagairt' bàsmhoire
'Bhi 'm bàirnich ard nan stuadh,
Le marachd mhath 'us cùram,
Gheabh an iùbhrach ghasd a' bhuidh;
'S thig fearalachd 'us mòralachd
Ri linn na comhstrith cruaidh'.

'S an uair a thigeadh sìochaint,
'S a bhiodh grian a' deàrsadh caoin,
Gu 'm b' aotrom 'bhi le ceòl 'us sunnd
'Cur siùil ri slatan caoil;
'S an uair a bhiomaid diomhanach,
Mo dhriamlach thair a taobh,

'Us mi gu h-ait a' seinn le fonn,
"Mo nighean donn mo ghaoil."

"O, 'òigeir ùir, nach éisd thu rium,
Ged 's mòr do spéis do 'n chuan,
Cha mhair an òige daonnan,
'S 'n uair 'thig an aois le gruáim,
Gur bochd an obair seann-duine
'Bhi mach feadh ghreann nan stuadh
Fo chathadh geal nam bòc-thonna
Tre 'n oidhche reòdhta fhuar.

"O, 's mairg ri dorchadas 'us stoirm,
'Bhios air a' chladach leis
Na gàirdeanan 'bha làidir
Air failneachadh gun treis',
Tigh-solais air an fhuaradh,
'Us gaoth a's cruaidhe fead
Ga 'n sparradh chain an fhuathais
'S an long mu 'n cuairt cha leig."

"O, 'ainnir dhonn, na sil do dheòir,
Mu bhròn nach tig a chaoidh.
Tha 'n tì a' riaghladh air a' chuan,
'Tha 'riaghladh cluaintean fraoich;
'Us ged, a luaidh, a thriallas mi
Gu oirean cian an t-saoghail,
Le thoil-san thig mi sàbhailte
Gu broilleach blath mo ghaoil.

'Us ged is goirt an dealachadh,
Bidh 'n coinneachadh d'a réir,
'S ar cridheachan 'an dealas ùr
A' dlùthachadh ri chéil',
'An gaol gun mheirg, gun fhàilneachadh
Ach mar a bha gun bhéud;
Gach turus-cuain ga 'ùrachadh,
A mhùirneag a' chùil réidh.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia. -agus- <eng>127 State St, Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

[TD 57]

[Vol. 6. No. 8. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHAN AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 20 OGUST, 1897. No. 8.

Dunnachadh Ban Mac-an-t-Saoir.

LE NIALL MACLEOID.

Tha e air aithris gu tric ann am measg nan Gàidheal gur e Dunnachadh Bàn Mac-an-t-Saoir bàrd is fheàrr a thog Gàidhealtachd Alba bho laithean Oisein; agus gur e “Moladh Beinn Dòrain” cuibhrionn de bhàrdachd is fheàrr a chuir Dunnachadh Bàn ri chéile. Cha’n ’eil mi ag ràdh nach fhaod daoine a bhi air am mealladh a thaobh an dà ni sin. Tha iad na mo bheachd-sa gu h-àraidh air am mealladh a thaobh an dara ni; is e sin gur e “Moladh Beinn Dòrain” cuibhrionn de bhàrdachd is fheàrr a chuir Dunnachadh Bàn ri chéile. Neach air bith a leughas “Moladh Beinn Dòrain” gu faicilleach o thoiseach gu deireadh, faodaidh an neach sin eòlas fhaotainn air na buadhan a bhiodh feumail agus freagarach do dheagh shealgair, air cu[?]idh a’ ghunna a bha cleachte ann an [?] a’ bhàird, agus ainmeannan lusan gun aireamh; gheibh e na nithe sin air an cur sìos ann an cainnt bhinn, fhileanta, agus bhlasda, a dh’ fhaodas a bhi ’n an lòn taitneach do ’n chluais, ach nach dean mòran àrdachaidh no beathachaidh air buadhan na h-inntinn. Tha ’m bàrd a’ toirt dhuinn trì seallaidhean àraidh air Beinn Dòrain. Anns a’ chiad àite tha e ’ga h-ainmeachadh na “monadh fada réidh,” ach ’s ann a tha ’bheinn coltach ris mar gu’m biodh i ag atharrachadh nan cruth fa chomhair sùil inntinn a’ bhàird mar a bha e ’dol air agaidh leis a’ mholadh aice. Agus an àite i bhi ’n a “monadh fada, réidh,” ’s ann a tha i tionndadh gu bhi cho corach, carach, bideanach, ri sruth Choire Bhreacainn, ’n uair a tha is fas:

“Gu stobanach, stacanach,
Slocanach, laganach,
Cnocanach, cnapanach,
Caiteanach, romach;
Pasganach, badanach,
Bachlagach; boidheach.”

Anns an treas sealladh a tha ’m bàrd a’ toirt dhuinn air Beinn Dorain, tha e ’g a h-ainmeachadh ’n a “monadh fada, faoin.” Tha sin a leigeadh fhaicinn duinn nach b’ e idir cumadh agus maise na beinne ’bu mhomha bha anns an amharc aig a’ bhàrd ann a bhi seinn a cliù, ach a bhi a’ taghadh briathran fìnealta ruithteach a rachadh gu snasmhor ann an eagan a chéile, agus a bha freagarrach air fonn a’ phuirt air an do sheinn e am “moladh,” co dhiubh a bha ’chainnt sin seasmhach ri lagh nàduir no nach robh. Tha aon rann beag anns nach ’eil ach ceithir sreathan goirid, ann am “Mian a’ Bhàird aosda,” air cliù agus maise beinne, anns am bheil barrachd brìgh agus bàrdachd na ’tha ann am “Moladh Beinn Dòrain” bho cheann gu ceann:

“Chì mi Beinn-àrd is àillidh fiamh,
Ceann-feadhna air mhìle beann;
Bha aisling nan damh ’n a ciabh,
'S i leabaidh nan nial a ceann.”

Tha e air a mheas ’n a mhaise air bàrdachd agus air sgrìobhadh no còmhradh sam bith, mar is momha théid de chiall agus de ghliocas a chur ann an tearc de bhriathran. Ach cha d’ thug Dunnachadh Bàn mòran aire do ’n teagasg sin. Agus cha b’e mhain Dunnachadh Bàn, ach

bhà agus thà a' chuid mhor de na bàird Ghàidhealach againn ciontach dhe sin. Cho fad 's a gheibheadh iad briathran a ghabhadh tàthadh agus fuaimneachadh ri chéile leanadh iad air sniomh an orain a mach cho fad 's a [?]dh e deanamh; co dhiubh a bha beachdan ùra 'g am foillseachadh fhéin ann no nach robh. Ma bha mhin gann bha iad a' fuine a bhonnaich a mach cho tana 'sa ghabhadh e sgaoileadh.

Cha ghabh e àicheadh nach e fìor bhàrd a bha 'n Dunnachadh Bàn, ach bard aig an robh buadhan cainnte pailt air thoiseach air a chumhachd inntinn. Ach ma rinn Dunnachadh Bàn bàrdachd lag rinn e bàrdachd làidir. Ann am moladh "Choire-cheathaich" tha againn dealbhan air an tarrainn cho oirdhearc agus cho maiseach, ann an cainnt cho finealta, snasmhor, 's a tha ri 'fhaotainn anns a' chanain Ghàilig-cainnt a tha nochdadh dhuinn an toilinntinn a bha aig a' bhàrd ann a bhi 'n dlùth cho-chomunn ri maise obair nàduir.

"Sa' mhaduinn chiùin-ghil an am dhomh dùsgadh.
Aig bun nan stùc b'e an sùgradh leam."

Anns an rann so tha againn inntinn agus spiorad a' bhàird a' bristeadh a mach. Anns a mhaduinn chéitein 'n uair tha 'n driùchd a' dealradh air gach feòirnein, a' ghrian ag éiridh suas 'na glòir, le sgiathan sèimh a' sgaoileadh a brat òr-bhuidhe air gach srath agus sliabh, is e miann a' bhàird a bhi 'g éirigh gu moch agus a dìreadh suas gu bun nan stùc a ghabhail compairt le eunlaith nan speur ann a bhi 'seinn agus a' deanamh gàirdeachas ann am maise agus gloir a chruinne-ché.

Tha e duilich a chreidsin gu 'n cuireadh ughdar "Coire-cheathaich" bàrdachd ri chéile (ma dh' fhaodair bardachd a radh ris) cho leanabail, lag, agus leibideach, ri "Alastair nan stop." Rinn Dunnachadh Bàn a tri no ceithir a dh' orain ghaoil, ach a mach bho "Mhairi Bhain oig," cha'n 'eil iad ach fuar, tioram agus lag. Ann a h-aon de na orain-ghaoil sin tha 'n rann a leanas:

'S do chùl daithte làn-mhaiseach,
Mu 'n cuairt do d' bhràigh' an òrdugh,
Air sniomh mar theudan clàrsaiche,
'N a fhaineachan glan nòsar;
Gu lidh-dhonn, pleatach sàr-chleachdach,
Gu dosach, fàsmhor, domhail,
Gu lùbach, dualach, bachlach, guairsgeach,
Snasmhor, cuachach, òr-bhuidhe."

Tha 'n t-òran a' toiseachadh leis na facail so—"A mhairi bhàn, gur barrail thu." Tha e duilich a dheanamh a mach ciod e'n seorsa dath a bha air an fhalt aig a' mhaighdinn so, ma bha e "bàn," "lidh-dhonn," agus "òr-bhuidhe." Ann an oran "Mhairi Bhan òg" tha 'm bàrd a' bualadh teudan na clàrsaich aige le dùrachd ni's blaithe, leis am bheil faireachadh a' ghaoil agus spiorad na fìor bhàrdachd a' comhnadh a cheile, agus a sgeudachadh Mairi le trusgan maiseach finealta nach cail i cho fad 's a bhios Gailig ghlan Albannach air a labhairt no air a seinn air feadh an t-saoghail.

Ann an “Oran an t-Samhraidh” tha ’n rann a leanas:

“’S fìor ionmhuinn mu thràth noine,
Na laoiigh òga choir na buaile sin,
Gu tarra-gheal, ball-bhreac, botainneach,
Sgiathach, druim-fhionn, sròn-fhionn, guaillinnach;
Is iad gu lith-dhonn, ciar-dhubh, càraideach,
Buidh’, gris-fhionn, crà-dhearg, suaichionta,
Seang, slios’ra, dìreach sàr-chumpach,
Cas, bachlach, bàrr an suainiche.”

Faodaidh e bhith gur e nach ’eil mise tuigsinn cìod is ciall do fhìor bhàrdachd, ach feumaidh mi aideachadh “nach ’eil mi faicinn bàrdachd air bith anns an rann sin, no ann an iomadh rann eile de’n t-seorsa cheudna. Tha cainnt gu leor ann, air a càrnadh air muin a cheile, facail fhada, thioram, làidir, gun bhinneas gun ghrinneas. Agus ann am measg a cho-thionail bhriathran sin, bu cho math a bhì ’g iarraidh snàthaid ann an cruaidh fheoir agus a bhì ’g amharc air son na beachd air an robh am bàrd ag iarraidh soluis a chur.

Tha bàrdachd agus tuigse anns an òran chiatach sin, “Cead deireannach nam beann.” Cha’n ’eil am bàrd a’ deanamh strìth air bith gu bhì taghadh facail mhòra, chruaidhe,

(Air a leantuinn air taobh 60.)

[TD 58]

[Vol. 6. No. 8. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI. EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UAISLE.

CAIB X.

An uair a bha mi mar so ’gam dhiteadh fhein, thainig an taillear far an robh, mi agus thuirt e rium, “Thug seann duine nach ’eil mi ag aithneachadh an tuadh agad an so. Tha e ag radh gu ’n d’ fhuair e anns a’ choille i, agus gu ’n dubhairt do chompanaich ris gur ann leatsa ’tha i, agus gu ’n d’ innis iad dha gu ’n robh thu ’fuireach an so. Thig am mach a bhruidhinn ris; oir cha toir e seachad i do dhuine sam bith ach dhut fhein.

An uair a chuala mi so, chaidh mi air chrith leis an eagal. An uair a bha ’n taillear a’ faighneachd gu de ’bha cearr orm, dh’ fhosgladh dorus an t seomair, agus nochd an seann duine a steach far an robh sinn. Co bh’ ann ach am fathach ann an riochd seann duine, agus an tuadh aige ’na laimh.

“Is mis am fathach,” ars esan, “mac do nighinn Eiblis, Prionnsa nam fathach. Nach i so an tuadh agadsa?”

Mu 'n d' fhuair mi uine gu freagairt a thoirt dha, rug e air mheadhain orm, agus sguab e leis mi am mach as an t-seomar. Ann am priobadh na sul thug e leis mi cho ard do na speuran 's nach robh fhios agam co 'n taobh a bha e 'gam thabhairt. Thainig e nuas thun na talmhainn a rithist, agus 'nuair a bhuaile e a chas air an talamh dh' fhosgail e, agus thug e sios mi do 'n luchairt far an robh a' bhana-phrionnsa. Ach, obh, obh! ciod an sealladh a bha 'n sin! Dh' fhag e mo chridhe goirt. Bha i 'na sineadh ruisgte air an urlar lan fala, ni bu choltaiche ri marbh na ri beo, agus a gruaidhean fliuch le deoir.

"A chreutair mhollaichte," ars am fathach rithe, agus e 'sineadh a laimhe an taobh a bha mise, "nach e so am fear ris an robh thu 'leannanachd?"

Sheall i an rathad a bha mi, agus fhreagair i gu muladach, "Cha 'n aithne dhomh idir e; cha 'n fhaca mi riamh e gus an drasta."

"Ciod a tha thu 'g radh?" ars am fathach. "Is e bu choireach ri thu bhith anns an t-suidheachadh anns am bheil thu; agus tha thu cho ladarna 's gu 'm bheil thu 'g radh nach aithne dhut e."

"Mur aithne dhomh e," arsa bhana-phrionnsa, "am b' aill leat mi dheanamh nam breug a chum a dhiteadh?"

"Oh, seadh," ars am fathach 's e tarruinn a' chlaidheimh as an truaille, agus 'g a thairgse do 'n bhana-phrionnsa, "mur faca thu riamh roimhe e, beir air a' chlaidheamh, agus gearr dheth an ceann."

"Ochan! cia mar a tha e 'n comas dhomhsa a leithid sin a dh' olc a dheanamh air do chomhairle-sa? Tha mi air fas cho fann 's nach urrainn mi mo lamh a thogail; agus ged a b' urrainn, cha leigeadh mo chridhe leam beatha duine neo-chiontaich nach fhaca mi riamh roimhe a thoirt air falbh," arsa bhana-phrionnsa.

"Tha do chuid diultaidh a' dearbhadh dhomhsa gu soilleir gu 'm bheil thu ciontach," ars am fathach. An sin thionndaidh e riumsa, agus thuirt e, "Am faca tusa am boirionnach so riamh roimhe?"

Bithinnse cho mi-thaingeil agus cho meallta ri creutair a bha beo mur fheuchainn ri bhith cho dileas dhise 's a bha ise dhomhsa, gu h-araidh o'n a b' ann air mo shaillibh a choisinn i corruich an fhathaich. Air an aobhar sin, thuirt mi ris, "Cia mar a bhiodh aithne agamsa oirre 's nach fhaca mi riamh i gus an drasta."

"Ma tha sin mar sin," ars esan, "beir air a' chlaidheamh, agus gearr dhith an ceann. Air a' chumhnant so leigidh mi leat a bhith 'falbh; oir an sin bidh e air a dhearbhadh dhomh nach fhaca tu riamh i gus an drasta."

"Le m' uile? chridhe," fhreagair mi 's mi breith air a' chlaidheamh. Ach na smaoinich gur ann gus a' bhana-phrionnsa mhaiseach a chur gu bas air chomhairle an fhathaich a rinn mi so. Rinn mi e a chum gu 'n nochdainn cho math 's a b' urrainn domh gu 'n robh mi a' cheart cho

deas gus am bas fhulang air a son-se 's a bha ise air mo shon. Thuig i gle math ciod a bha mi 'ciallachadh; oir dh' aithnich mi air an t-suil a thug i orm gu 'n do thuig i mi. An uair a chunnaic mi so thug mi ceum air ais, agus agus thilg mi an claidheamh air an urlar, agus thuirt mi ris an fhathach, "Bidh mise gu brath 'nam chulaidh-ghrain do 'n chinne-daon gu leir ma bhios mi cho eucorach 's gu mort mi bean-usal air nach robh eolas agam, agus tha gle dhluth air a' bhas. Faodaidh tu an rud a thogras tu a dheanamh rium, o'n a tha comas agad air; ach cha dean mi air chor sam bith an eucoir a tha thu 'g iarraidh orm a dheanamh."

"Tha mi 'faicinn," ars am fathach, "gu 'm bheil sibh le cheile suidhichte air brath a ghabhail orm, agus air masladh a thoirt dhomh. Ach leigidh mi 'fhaicinn dhuibh, leis an droch dhiol a ni mi oirbh, gu 'm bheil barrachd cumhachd agam na tha sibh an duil."

An uair a thuirt e so, rug e air a' chladheamh, agus ghearr e dhith an lamh. Ged nach robh innte ach an deo air eiginn leig i ris dhomh gu 'n robh i 'fagail slàn agam gu brath. An uair a chunnaic mise gu 'n d' fhuair i bas thuit mi ann an neul. An uair a dhuisc mi as an neul, dh' iarr mi air an fhathach mo ghrad chur gu bas. Thuirt mi ris, "Buall mi anns a' mhionaid. Tha mi deas gus am bas 'fhaighinn. Is e mo ghrad chur gu bas am fabhar a's mo is urrainn dut a dheanamh rium."

Ach an aite deanamh mar a bha mi ag iarraidh air, thuirt e, "Gabh beachd air an droch dhiol a ni na fathaich air am mnathan, an uair a bhios amhrus aca gu 'm bheil iad neo-dhileas dhaibh. Leig i leat cead tighinn a steach an so; agus nam bithinnse cinnteach gu 'n robh dad cearr eadraibh, chuirinn gu bas thu anns an t-seasamh bonn. Ach foghnaidh leam do chruth atharrachadh gu cu, no moncaidh no leomhann, no gu eun. Roghnaich an cruth a's fhearr leat dhiubh so."

Thug na briathran so ni-eiginn de mhisnich dhomh gu'n rachadh agam air faighinn sabhailte as a lamhan. Thuirt mi ris, "O fhathaich, na bi cho cruaidh sin orm, agus o nach eil thu gus mo bheatha a ghearradh as, buin rium gu caoimhneil, fialaidh. Ma bheir tu mathanas dhomh, cumaidh mi do chaoimhneas nam aire fad 's is beo mi. Dean rium mar a rinn aon de na daoine a b' fhearr a bh' air an t-saoghal an uair a thug e gu saor lan-mhathanas do 'n choimhearsnach fharmaidach aig an robh fuath mor dha."

Dh' fheoraich am fathach dhìom ciod a thainig eadar an dithis choimhearsnach so, agus thuirt e rium gu 'n deanadh e foighidinn gus an innsinn dha mu 'n deidhinn. Tha mi 'n dochas, a bhaintighearna, nach gabh thu gu h-olc e ged a dh' innsinn dhut an naigheachd so.

Ann am baile mor araidh bha dithis dhaoine 'fuireach ann an taighean a bha gu math dluth dha cheile. Bha fuath anabarrach mor aig an dara fear do 'n fhear eile. B' eiginn do 'n fhear a bh' air 'fhuathachadh falbh as an taigh 's an robh e agus taigh a ghabhail ann am baile eile; oir bha e 'smaointean gur e cho dluth 's a bha e fhein 's a choimhearsnach air a cheile bu choireach gu 'n robh fuath aig a choimhearsnach dha. Ged a nochd e iomadh caoimhneas dha, gidheadh,

cha do lughdaich sin 'fhuath dha. Air an aobhar sin reic e an taigh, agus gach ni a bh' aige, agus chaidh e do cheanna-bhaile na rioghachd. Cheannaich e greim fearainn faisge air a' bhaile so, far an do thog e taigh. Anns 'a gharadh so thachair gu 'n robh seann tobar anns nach robh deur uisge.

An uair a chuir e an taigh 's an garadh ann an ordugh cho math 's a ghabhadh deanamh, runaich e gu 'n caitheadh e na bha roimhe de 'bheatha cho saor o dhragh 's o thrioblaidean an t-saoghail 's a ghabhadh deanamh. Air an aobhar sin chuir e uime eideadh manaich, agus chuir e caochladh sheomraichean an ordugh a chum gu 'm biodh e fhein is manaich eile a' fuireach annta. Ann an uine ghoirid thainig e gu bhith fo mhor-mheas aig islean 's aig uaislean a' bhaile gu leir air son cho maiseach 's cho neo-lochdach 's a bha e 'caitheamh a bheatha. Thainig daoine air astar fada a dh' aon ghnathach a chum gu 'n cuireadh e suas urnuigh as an leith; agus dh' aidich iad gun robh e 'na mheadhain air moran math a dheanamh dhaibh.

Chualas anns a' bhaile as an d' fhalbh e gu 'n robh an duine so fo dheadh chliu aig na h-uile agus bhrosnaich so an duine aig an robh fuath dha air a leithid de dhoigh 's

[TD 59]

[Vol. 6. No. 8. p. 3]

gu 'n do chuir e roimhe gu 'n rachadh e a dh' aon ghnathach do 'n cheanna-bhaile gus a sheana choimhearsnach a chur gu bas. A chum a dhroch run a chur an gnìomh chuir e uime eideadh manaich, agus chaidh e dh' ionnsuidh an taighe anns an robh cuimhne aige air an fhuath 's air a' ghamhlas a bh' aige dha 's an am a dh' fhalbh.

Thuirt an duine gamhlasach, farmadach, so ris, gu 'n d' thainig e far an robh e air cheann-gnothaich a bha gle chudthromach, agus fhad 's a bhiod e ag innseadh aobhar a thurus dha, nach fhaodadh duine a bhith anns an eisdeachd ach iad fhein. "Agus a chum nach cluinn neach sam bith aon fhacal de na bhios eadrainn," ars esan, "theid sinn do 'n gharadh. Bheir thu ordugh do na manaich gabhail mu thamh o'n a tha e air tighinn anamoch 's an fheasgar." Rinn an duine coir, cneasda, mar a chomhairlich an droch dhuine eile dha.

An uair a chunnaic an duine farmadach nach robh neach sam bith 'g am faicinn, thoisich e ri innseadh ceann a thurus do 'n duine mhath. Bha iad a' coiseachd taobh ri taobh air an socair fhein, agus gun smaointean aig an duine mhath gu 'n robh olc sam bith fa near do'n duine fharmadach. Ach uair de na h-uairean 's iad a' dol seachad air an tobar, thilg an duine farmadach sìos an duine math an comhair a chinn do 'n tobar, agus thug e 'chasan as gun fhios aig duine beo air an olc a rinn e. Cha do leig e an ceum as a chois gus an d' rainig e a thaigh fhein. Bha e gle riaraichte le a thurus; oir bha e lan-chinnteach 'na inntinn fhein, gu 'n do chuir e a sheana choimhearsnach coir gu bas. Ach 'na dheigh sin fhuair e 'mach gu'n robh e gu mor air a mhealladh.

CAIB XI.

Bha sithichean agus fathaich a' fuireach anns an t-seann tobar, agus mur b' e so bha 'n duine math air a bheatha 'chall mu 'n d'rainig e grunn an tobair. An uair a thilg an droch dhuine eile sios e, rug iad air 'nan lamhan, agus leig iad as gu socrach anns an tobar e. Ged nach fhaca e neach sam bith, dh' aithnich e gu'n robh cumhachd air choireiginn ann a chum e gun a cheann 's a chnamhan a bhristeadh leis an leagadh a fhuair e.

Cha robh e fad anns an tobar an uair a chuala e guth ag radh, "An aithne dhuibh an duine so do 'n tug sinn cuideachadh?"

Fhreagair guth eile, "Cha'n aithne."

An sin fhreagair a' cheud ghuth, "Innsidh mise dhuibh co e. Is e so duine cho caranta 's a th' air an t-saoghal. Dh'fhalbh e as a' bhaile 's an robh e, agus thainig e do 'n bhaile so an dochas gu'n tugadh e air aon de choimhearsnaich gun a bhith cho gamhlasach ris. An uair a chuala choimhearsnach cho cliuiteach 's cho measail 's a bha e anns a' bhaile so, thainig e a dh'aon ghnathach a chum cur as da. Agus bha chuis air a dhol leis mur b' e gu'n d'thug sinne cuideachadh dha an uair a thilgeadh 's an tobar e. Tha cliu an duine so cho mor 's gu'n cuala an righ m' a dheidhinn. Tha 'n righ gus tighinn g' a amharc am maireach a chum gu'n dean e urnuigh as leith a nighinn."

Thuirt guth eile, "Ciod am feum a th' aig nighean an righ air urnuighean manaich?"

Fhreagair a' cheud ghuth, "Am bheil fhios gu'm bheil i air a mealladh leis an fhathach, Moimoun mac Dhimidim, a thuit ann an gaol oirre? Tha fhios agamsa gle mhath cia mar a theid aig an duine mhath so air a leigheas. Tha an ni furasda gu leor, agus innsidh mi dhut e. Tha cat dubh aige 's an taigh. Air earball a' chait so tha bad beag geal. Ma bheir e seachd roineagan as a' bhad gheal so, agus gu'n loisg e iad os cionn ceann nighean an righ, bidh i air a leigheas, agus cha tig Maimoun, mac Dhimidim, gu brath tuilleadh far am bheil i."

Chuala an duine math a h-uile facal de 'n chomhradh so a bh' eadar na sithichean agus na fathaich. Ach cha dubhairt iad facal ri cheile tuilleadh fad na h-oidhche.

Anns a mhadainn an uair a thoisich an latha ri soilleireachadh, thug e an aire gu'n robh pairt de bhalla an tobair air tuiteam, agus le mor dhichioll chaidh aige air streap am mach as.

Bha na manaich fad na h-oidhche 'g a iarraidh gus an robh iad seachd sgith; agus an uair a chunaic iad e, rinn iad gairdeachas mor ris. Thug e dhaibh gearr chunntas air an eucoir a rinn an duine air, an deis dha a leithid de choimhneas a nochdadh dha an latha roimhe sin.

Cha robh e fada 'na sheomar fhein an uair a thainig an cat dubh far an robh e, agus thoisich e ri e fhein a shliobadh ris mar a b' abhaist dha. Rug e air agus thug e seachd roineagan as a' bhad gheal a bh' air an earball aige, agus chuir e ann an aite air leith iad gus am biodh feum aig' orra.

Gu math moch an la'r-na-mhaireach chaidh an rìgh gu taigh a' mhanaich, agus ghabhadh ris leis an urram a bha dligheach dha mar rìgh. Thug an rìgh mar an ceudna urram do 'n mhanach, agus thuirt e ris, "A dhuine mhath, is docha gu'm bheil fhios agad c'ar son a thainig mi far am bheil thu."

"Tha mo thighearna," ars' am manach 's e 'freagairt gu ciuin: "mur 'eil mi air mo mhealladh, thainig sibh a dh' iarraidh leighis air son a' ghalair a th' air bhur nighinn."

"Sin a' cheart aobhar a chuir an so mi," ars' an rìgh. "Bheir thu tuilleadh saoghail dhomsa ma theid agad air mo nighean a leigheas."

"Mo thighearna," fhreagair am manach, "ma 's e bhur toil leigeadh leatha tighinn an so far am bheil mise, tha dochas agam, le cuideachadh is fabhar Dhe, gu'n d' theid agam air a leigheas."

An uair a chual'an rìgh so bha aoibhneas anabarrach air, agus gun dail sam bith chuir e air thoir na h-ighinn. Thainig i fhein 's a mnathan-coimhideach. Cha bu luaithe a loisg am manach na seachd roineagan a thug e a earball a' chait, os cionn a cinn, na thug am fathach, Maimoun, mac Dhimidim, glaodh mor as, agus dh'fhalbh e. Ghrad thug nighean an rìgh an srol bhar a h-aghaidh, agus dh'eirich i 'na seasamh, agus ghlaodh i, "C'ait am bheil mi? Co thug an so mi?"

An uair a chual' an rìgh na briathran so, bha aoibhneas anabarrach mor air, agus rug e air a nighinn 'na ghairdeanan, agus phog e i. Phog e mar an ceudna lamh a' mhanaich. Thuirt e ris an luchd-comhairle a bha maille ris, "Ciod an duais air am bheil an duine so airidh a leighis mo nighean?"

Fhreagair iad a beul a cheile, "Tha e airidh gu'n tugadh tu dha do nighean ri 'posadh."

"Sin a' cheart ni a bha mi fhein a' smaointean," ars' an rìgh, "agus gun tuilleadh dalach theid am posadh a dheanamh."

An uine ghoirid 'na dheigh sin fhuair ard-chomhairleach an rìgh bas, agus rinneadh ard-chomhairleach de 'n mhanach. An ceann beagan bhliadhnachan 'na dheigh sin dh' eug an rìgh fhein, agus o nach robh mac aige cha 'n fhaca ard-mhaithean na rioghachd dad bu fhreagarraiche na 'n t-ard-chomhairleach a dheanamh 'na rìgh, agus thaitinn so gu mor ri sluagh na rioghachd gu leir.

An uair a rinneadh rìgh de'n mhanach, bha e latha araidh, ann an cuideachd ard-mhaithean agus ard-uaislean na rioghachd ag imeachd troimh 'n bhaile, agus bha moran de shluagh a' bhaile cruinn gus an

righ fhaicinn. Thug an righ an aire gu 'n robh an duine farmadach, a nochd mor ghamhlas dha, am measg an t-sluaigh. Thuirt an righ ri aon de na comhairlich, "Bi falbh, agus thoir an duine ud a chi thu 'na sheasamh an sid far am bheil mise; ach thoirt an aire nach cuir thu eagal air."

Rinn an comhairleach mar a dh' aithn an righ dha, agus thug e an duine farmadach 'na lathair. Thuirt an righ ris, "A charaid, tha mi anabarrach toilichte d'fhaicinn."

An sin thionndaidh an righ ri fear de na h-oifigich a bha maille ris, agus thuirt e, "Bi falbh, agus thoir ceud bonn oir de m' chuid ionmhais-sa do 'n duine so; thoir dha mar an ceudna fichead luchd de 'n bhathar a's fhear 's is luachmhoire a th' anns na taghean-storais agamsa, agus faic sabhailte dha thaigh fhein e."

An uair a thug e an t-ordugh so do 'n oifigeach, dh' fhag e beannachd aig an duine fharomadach, agus dh' imich e air aghart.

An uair a dh' aithris mi an naigheachd so do 'n fhathach a mharbh a' bhana phrionnsa thuirt mi ris, "O fhathaich! tha thu nis a' faicinn, nach e mhain gu'n d'thug an righ mathanas do'n duine fharomadach a bha 'g iarraidh a bheatha 'thoirt air falbh, ach gu'n do nochd e dha mor-chaoimhneas mar an ceudna, agus gu'n d'thug e dha or is bathar luachmhor ann am pailteas. Dean thusa mar a rinn an righ math, trocaireach so, agus cha bhi aithreachas ort. Thoir mathanas dhomh, agus cha'n iarr mi an corr ort." Ach a dh' aindeoin cho durachdach, dealas-

(Air a leantuinn air taobh 62.)

[TD 60]

[Vol. 6. No. 8. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 20 OGUST, 1897.

Dunnachadh Ban Mac-an-t-Saoir.

(Air a leantuinn.)

thioram. Tha na fairichean aige mar a bha iad a' dùsgadh suas 'n a chom, a' sruthadh a mach ann an cainnt cheòlmhor, bhog, bhlàth; cho binn sèimh ri crònan an uillt. Anns an òran so tha 'm bàrd a' toirt dhuinn dealbh taitneach dhe fhéin, ach dealbh a tha air a mheasgadh le cianalas agus mulad. Tha 'm bàrd 'n a sheann aois ag gabhail a chuairt mu dheireadh, agus an sealladh mu dheireadh de Bheinn Dòrain; agus faodaidh sinn a bhi cinnteach mar a bha e 'dirleadh ri uchd an t-sleibhe le anail ghoirid, le'cheann liath, 's le' chiabhan tana, le ceum mall, 's le cridhe trom, gu'n robh iomadh smaoin thùrsach a' snàmh 'n a chom, ag cuimhneachadh air na laithean a dh' fhalbh, laithean sòlasach taitneach na h-òige nach till air an ais ni's mo:

"'N uair 'sheall mi air gach taobh dhìom,
Cha'n fhaodainn gun 'bhi smalanach."

Tha mi creidsinn gur h-ann le cridhe trom a thearnaich Dunnachadh Bàn gu baile air an fheasgar sin, a' mothachadh aois agus a lag-chuis fhéin; agus an uair a chunnaic e ceò an anmoich agus neòil dhorcha na h-oidhche a' sgaoileadh am brat tiamhaidh mu ghuailllean Beinn Dorain nach ro esan gu fhaicinn gu bràth tuilleadh.

"Ghabh mi nis mo chead de'n t-saoghal,
'S de na daoine dh' fhuirich ann;
Fhuair mi greis gu sunndach aotrom,
'S i 'n aois a rinn m' fhagail fann."

Tha mo thàlantair air caochladh,
'S an t-aog, air tighinn 's an am,
'S e m' achanaich air sgàth m' Fhir-shaoraidh,
Bhi gu math 's a n t-saoghal thall."

Rinn Dunnachadh Bàn beagan aoirean anns am bheil brod bàrdachd ged nach 'eil iad ri am moladh air dhoigh eile. Ach cha 'n eil teagamh nach do thoill "Nighean dubh Raineach" na fhuair i:

"A chionn gu'n do ghoid i,
'N rud beag bha 'n sa chluadan,
Bh' agam 's a' chùil
Nach d' innis mi chach."

Agus tha e coltach nach robh "Uisdean Piobaire," air na daoine 'bu mhodhaile agus 'bu bheusaiche. Ach tha sean-fhacal ag ràdh gur a "searbh a' ghlòir nach fhaodar éisdeachd." Cha'n 'eil e na

chomharradh laidir air inntinn mhoir a bhi 'gabhail gnothaich ris gach peasan leibideach a thig 'n a rathad. Agus cha mhomha a bha e ag àrdachadh cliù Dhunnachaidh Bhàin, a bhi cumail connspaid ri "Uisdean Piobaire," "Iain Faochaig," an "Taileir," agus "Anna nighean Uilleam an Crompa."

Ach cha b'è paipeir goirid a chaidh a sgrìobhadh ann a' cabhaig mar a chaidh am paipeir so a bheireadh ceartas do Dhunnachadh Bàn agus d'a chuid bàrdachd.

Bha sinn a' toirt cliù dha agus a' faotainn coire dha; ach tha sinn a' creidsinn nach cuir aon choire a gheibh sinne dha tolg no dealg 'n a chliù. Tha dochas againn gu'm bi a chliù mar bhàrd cho seasmhach buan ri beanntan a dhuthcha. Agus tha sinn a' creidsinn gum bi iomadh làtha agus linn mu'n siubhail Gàidheal eile firichean Bheinn Dòrain a ni am feum de 'bheul agus de 'shuilean, agus a chuireas urad de bheatha agus de mhaise ann an cainnt agus ann am bàrdachd ar dùthcha 's a chuir Dunnachadh Bàn Mac-an t-Saoir.

Tha na sgoilean dùthcha gu bhi air am fosgladh Di-luain s'a tighinn; cha tòisich na sgoilean anns na bailtean gu ceann seachdain no dha eile. Tha sinn an dòchas gu 'n dean gach sgìreachd-sgoile an uile dhìchioll air luchd-teagaisg fhaotainn, agus nach bi, air a bhliadhna so, tigh-sgoile anns an dùthaich gu sgoil ann. 'S còir an oigridh fhoghlum ge b'è de chosgais e; tha iad a fàs suas gu bras, agus am beagan bhliadhnaichean 's iad a bhios a riaghladh na dùthcha, agus a lionadh nan aiteachan a tha 'n diugh air an lionadh le 'n athraichean.

C'uin a dh' fhàsas daoine cho glic 's gu'n seachainn iad an lagh? Tha sgeul air tighinn mu chàs air 'n do chuireadh crìoch anns na Stàitean o chionn ghoirid an deigh dha mairsinn àireamh bhliadhnaichean. 'Se ochd ceud dolair a bh' anns an tagradh an toiseach, ach chosgadh trì fichead us coig mìle deug dolair mu'n robh crìoch air a chùis. Agus 's e còrdadh eatorra fhéin a rinn an da thaobh. Nach ann orra tha 'n t-aithreachas an diugh nach d rinn iad an còrdadh sin mun deach iad gu lagh?

Gheibhear anns an àireamh so paipear gasda mu Dhonnachadh Ban Mac-an-t-Saoir, air a sgrìobhadh le Niall Mac Leoid. Cha 'n eil Gàidheal nach eil eòlach air ainm agus cliù Dhonnachaidh Bhàin, agus is math leinn e bhi 'nar comas am paipear so, le aon a tha e-fhéin na bhàrd air am bheil cliù am measg nan Gàidheal uile, a thoirt f' an comhair. Cha 'n eil neach do 'n fhearr a's aithne labhairt mu shaothair bàird, na bàrd eile.

Chaidh da chaibideil de na "Sgeulachdan Arabianach" air iomrall oirnn. Theagamh gu 'n ruig iad sinn fhathast, agus ma ruigeas, theid an clo-bhualadh aig àm eile.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh

ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni
e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart
phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada.

Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 61]

[Vol. 6. No. 8. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Thatar a' cur moran dhearcan-gorma gu Boston á ceann an iar Nobha Scotia air an fhoghar so. Tha pris mhath orra anns a' bhaile sin.

Seachdain gus an Di-luain s'a chaidh, bha mac do Dhomhnull Mac-an-Tòisich, an <eng>Earlton, N. S.<gai> air a mharbhadh leis an dealanach, agus bha nighean bheag dha, aois sheachd bliadhna, air a goirteachadh gu dona. Cha robh an gille ach deich bliadhna dh' aois.

Chaidh an soitheach <eng>"Mary A. McLeod,"<gai> a dh' fhalbh á Sidni deireadh na seachdain s'a chaidh, air grunn faisg air <eng>St. Peter's<gai> maduinn na Sàbaid. Bha i luchdaichte le iasg, agus air a turus gu ruige Halifacs. Bha an làn mhara a stigh aig an àm, agus bidh e gle dhoirbh a toirt an uachdar, ma ghabhas e deanamh idir.

Chaochail gille beag d' am b' ainm <eng>Greenald<gai> anns an tigh-eiridinn an Cuibeic air an t-seachdain s'a chaidh. Bha e air bòrd soithich a' dol a stigh do 'n phorc sin, agus thatar a deanamh a mach gu' m b'e droch dhiol a rinn meat an t-soithich air a dh' aobharaich a bhàs. Tha am meat agus an caiptean an dràsda a' seasamh cùrtach.

Chaidh sabhal na theine ann am <eng>Bridgetown. N. S.,<gai> o chionn ghoirid, air dòigh neonach. Bha e lan de dh' fhiar a bha air a chur a stigh gorm, agus ghabh am fiar sin teas cho mor 's gu 'n deach e na theine. Chaidh an sabhal 's gach ni a bh'ann a losgadh, agus an tigh-comhnuidh cuideachd, ach fhuair e na bh' àirneis anns an tigh a shàbhaladh.

Bha fear Uisdean D. <eng>Murray<gai> ag obair air deanamh rathaid am pàirce 'n <eng>exhibition<gai> ann am Pictou, agus o chionn beagan us seachdain tharruinn e ceithir cheud deug dolair gus na daoine bha 'g obair fodha phàigheadh. Cha 'n fhacas e riamh uaithe sin, agus

tha h-uile coltas gu bheil e air teicheadh leis an airgead, agus gu bheil na daoine bochda bha 'g obair aige gun sgillinn air son an saothreach. Tha gnothuichean dhe 'n t-seòrs' ud a' tachairt tuilleadh us tric.

Bha àireamh de luchd-deasachaidh phaipearan-naigheachd ann an Sinni toiseach na seachdain. Buinidh iad do thaobh an ear mor-roinn Chuibeic, agus tha iad a' cur cuairt air na mor-roinnean iseal. Thainig iad gu Sidni air a charbad-iaruinn oidhche Di-màirt, agus dh' fhalbh iad air a' bhàta-smùide <eng>Marion<gai> 'sa mhaduinn Di-ciaduinn. Bha mu leth-cheud dhiubh ann air fad. Bha an t-side gle fhliuch fhad 'sa bha iad anns a' bhaile, ach bha iad gle riarachtaichte le 'n turus a dh' aindeoin sin.

Chaidh uamh fhaotainn air làrach seana-bhaile Louisburg air an t-seachdain s'a chaidh, le dithis dhaoine a bha 'cladhach ann. Tha an uamh mu dheich troighean fichead a dh' fhad, agus air a deanamh gu làidir air clach us aol. Fhuair eadhon duine innte, ach a bharrachd air sin, cha robh ni annasach ri fhaicinn. Cha 'n eil teagamh nach robh i air a deanamh ri linn nam Frangach air son àite-foilaich, no air son prìosan. Tha eachdraidh ag innse gu robh ceithir uamhannan deuga dhe 'n t-seòrsa sin anns a bhaile.

Seachdain gus an Di-luain s'a chaidh, dh' ionndraineadh boirionnach do 'm b' ainm <eng>Mrs. Orr,<gai> ann an <eng>Dumaries<gai> a Tuath, an Ontario. Cha robh fhios gu de dh' éirich dhi gu toiseach na seachdain so, nuair a fhuair daoine bha 'ga sireadh tòrr ùrach ann am pàirc arbhair faisg air an tigh aice, agus air dhaibh cladhach, fhuair eadhon a corp air a thiodlacadh ann. Bha a ceann agus a guaillean air an gearradh gu h-uamhasach. Chaidh dithis dhaoin' òga a ghlacadh air amhrus, fear a bha na sgalaig aig <eng>Mrs. Orr,<gai> agus fear eile a bha 'g ionnsachadh na dotaireachd.

Tha a' chùirt mhor 'na suidhe anns a' bhaile air an t-seachdain so, a cur crìoch air na càsan nach deach fheuchainn aig suidhe 'n t-samhraidh.

Tha còrr us tri muillein dolair de dh' ainbhfhìach air baile Halifacs, agus 's ann a' dol na 's motha tha i a h-uile latha. Thatar a pàigheadh \$134,000 'sa bhliadhna de riabh. Cho beairteach 's gu bheil baile Halifacs, cha 'n urrainn nach eil sin na uallach trom air an t-sluagh.

Tha an <eng>"Indiana,"<gai> aon de na soithichean-cogaidh a's motha th' aig na Stàitean, ann an Halifacs o chionn faisg air da sheachdain 'ga glanadh 's 'ga cur an uidheam. Cha 'n eil long-phort aig na Stàitean fhéin anns an gabhadh an obair deanamh; tha dùil ri tuilleadh de shoithichean-cogaidh na dùthcha sin a thighinn do Halifacs air a' ghnòthuch cheudna, mu 'n tig am foghar gu crìch.

Bha stoirm mhor thairneanach ann an Eilean a' Phrionnsa toiseach na seachdain s'a chaidh. Ann an <eng>Georgetown,<gai> bha boirionnach, bean Chaiptein Uisdean Mhic-a-Phi, air a bualadh leis an dealanach 'si a' bleoghan mairt, agus chaidh a goirteachadh gu dona; chaidh am

mart a mharbhadh. Chaidh sabhal le fear Tomas Henry a bhualadh, agus milleadh mor a dheanamh air. Mharbhadh each luachmhor le fear Henry Horne ann an <eng>Charlottetown.<gai>

Chaidh taighean Néill agus Ghilleasbuig Mhic Amhlaidh, air rathad Chow Bay, faisg air a bhaile, a losgadh aon latha air an t-seachdain s'a chaidh. Bha iad ag obair air an fhiar astar beag air falbh nuair a thòisich an teine, agus mu 'n tugadh fanear dha bha e air a leithid de ghreim fhaotainn 's gu 'n deach na taighean a losgadh gu làr. Chailleadh gach ni a bha nam broinn. Cha robh airgead-urrais air na taighean idir, agus thig an call gle throm orra.

Thatar a' feuchainn ri cur cruaidh ri luchd-reic an stuth làidir an dràsda. Tha dithis no trìuir dhiubh an deigh an cain a phàigheadh ann an Sidni, agus tha fear no dithis eile a tha air am faotainn ciontach a' cur dàil anns a' ghnòthuch le 'n cas a thogail gu cùirt a's àirde. Ann am mèinn an <eng>Reserve,<gai> agus an Seana Bhrìdgeport, tha àireamh an deigh an cain a phàigheadh, agus tha aon fhear nach robh comasach no deònach air sin a dheanamh, a' cur seachad ùine 'sa phrìosan.

Dh' fhalbh mu mhìle duine á <eng>Victoria, B. C.,<gai> toiseach na seachdain so air an turus gu <eng>Klondyke.<gai> Bha iad a dol pairt dhe 'n t-slighe air soithichean-smùide, agus bha iad air an làn uidheamachadh le biadh us aodach. Bha, mar an ceudna, eich us coin us sleigheachan aca. 'N uair a ruigeas iad <eng>Skagway Bay,<gai>—cho fada tuath 'sa bheir na soithichean iad—bidh iad air an giùlan air an adhart leis na h-eich, agus 'nuair a dh' fhasas an t-slighe 's an t-side cho doirbh 's nach dean na h-eich an còrr feuma, theid am marbhadh, 's nithear a chuid eile de 'n t-slighe leis na coin no dh' an cois. 'S iomadh cruadal troimh 'n teid na daoine bochda mu 'n ruig iad an ceann-uidhe.

Dh' fhalbh àireamh mhor de ghillean òga do Mhanitoba 's do 'n Iar Thuath Di-luain s'a chaidh, 's iad an dùil a dhol a dh' obair air a bhuaibh. Bha moran dhaoine a dhith air na tuathanaich, agus air son gu 'm biodh e na b' usa dhaibh am faotainn, chaidh am faradh eadar so us àite sam bith am Manitoba no 's an Iar-Thuath isleachadh gu ceithir dolair dheuga. Dh' fhalbh seachdnar á Sidni, agus eadar am baile 's na mèinnean dh' fhalbh eadar da fhichead 'sa coig us leth-cheud. Dh' fhag cuid dhiubh deagh àiteachan-cosnaidh 'nan deigh, agus dh' fhalbh cuid aig nach eil moran sgil air tuathanachas. 'S e 's dòcha gu bheil sùil aig a mhor-chuid dhiubh air <eng>Klondyke.<gai> Tha sinn an dòchas gu 'n soirbhich gu math leo uile.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35
Orain Iain Luim

.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

CARADH
Uaireadairean
Glanadh,
\$0.50
<eng>Mainspring,<gai>
.60

An da chuid,
1.00
<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.
<eng>Baddeck, C. B.

BADDECK, -- C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

IUBILI!
THIG AGUS FAIC!
Ceannachd ur us Prisean ura.
A h-uile ni cho soar 's nach fhaod mi innse.
Niall Domhnullach.
Ceann an Iar a Bhaile.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 62]

[Vol. 6. No. 8. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 59.)

Ach 's gu'n robh mi a' guidhe air mathanas a thoirt dhomh, cha tugadh e geill sam bith dhomh.

"Cha chuir mi gu bas thu," ars' esan, "ach na biodh duil sam bith agad gu'm faigh thu slan, fallain, as mo lamhan-sa. Leigidh mise 'fhaicinn dhut gu'm bheil cumhachd agam iomadh ni a dheanamh 'e m' dhraoidheachd."

An uair a thuirt e so, rug e orm 'na chroig agus cha mor nach do dh' fhaig e an cridhe asam. Dh' fhalbh e leam am mach as an taigh-fo-thalamh, agus thug e leis mi cho ard do na speuran 's nach robh mi ach air eiginn a' faicinn na talmhainn shios fodham mar neul beag, geal. An sin thainig e nuas leam cho luath ris an dealanach, agus leig e as mi air mullach beinne. Thug e lan a chroige de 'n talamh, agus an uair a labhair e briathran nach do thuig mise, thilg e mu mhullach mo chinn e, agus thuirt e, "Na bi 'nad dhuine ni 's mo, ach bi 'nad mhoncaidh. Ann am priobadh na sul chaidh e as an t-sealladh, agus dh' fhag e ann an sid mi 's mi ann an riochd moncaidh. Bha mo chridhe gu bristeadh le bron 's gun fhios agam air an t-saoghal mhor c'aite an robh mi, no cia 'n taobh a bheirinn m' aghaidh a dh' ionnsuidh rioghachd m' athar.

Chaidh mi sios bhar mullach na beinne, agus thainig mi dh' ionnsuidh duthaich a bha anabarrach farsuinn, comhnard. Bha mi 'siubhal troimh 'n duthaich so fad mhios. Mu dheireadh thainig mi ann an sealladh na mara, agus rinn mo chridhe gairdeachas ris an t-sealladh. Bha feath mhor air a' mhuir, agus chunnaic mi long mhor fo a cuid sheol 'na laidhe gu socrach air aghaidh na mara, agus ann an dochas gu'n gabhadh an sgiobair air bord mi 'nan ruiginn i, thug mi oidhirp air meanglan mor a bhristeadh bhar te dhe na craobhan a bha faisge air bruaich a' chladaich. A dh' olc no dh' eiginn gu'n d' fhuair mi, bhris mi e, agus an uair a chuir mi am mach air a' mhuir e, chaidh mi casan-gobhlach air, agus bha mi 'g a iomradh le maide anns gach laimh. Ged a thug mi uine mhor air ruighinn far an robh an long, rainig mi mu dheireadh a cheart air eiginn.

An uair a mhothaich na seoladairean agus an luchd-turuis a bh' air bord dhomh, ghabh iad ioghnadh anabarrach mor. Cha bu luaithe a rainig mi cliathach na luinge na ghrad streap mi air bord; ach o nach b' urrainn domh bruidhinn, bha mi ann an cunnart a bhith air mo ghrad chur gu bas.

Bha na marsantan a bh' air bord, agus na seoladairean, a' lan chreidsinn gu'n tigeadh mi-fhortan mor 'nan rathad nan leigeadh iad leam a bhith air bord. Thuirt fear dhiubh, "Cuiridh mi 'n t-eanchain as le maide." Thuirt fear eile, "Cuiridh mi saighead troimh 'n mhionach aige." Thuirt an treas fear, "Tilgidh mi leis a' chliathaich e."

Bha iad air mo chur gu bas ann an ionad nam bonn, mur b' e gu'n do ghabh an sgiobair mo phairt. An uair a chunnaic mi an cunnart anns an robh mi, chaidh mi far an robh e 'na sheasamh, agus thilg mi mi-fhein air an dec aig a chasan. An uair a chunnaic e mi a' sileadh

nan deur gu frasach, ghabh e truas dhìom, agus thuirt e nach fhaodadh duine a bh' air bord beud a dheanamh orm. Thoisich e ri deanamh moran dhìom, agus ged nach robh e 'n comas dhomhsa facal a labhairt, nochd mi dha mar a b' fhearr a b' urrainn domh gu'n robh mi gle thaingeil dha air son a' chaoimhneis a bha e 'nochdadh dhomh.

(Ri leantuinn.)

Teagasg Fallain.

Comhairle caraid gun iarraidh,
Cha d' fhuair i riamh am meas bu chòir dhi.

Tha e anabarrach furasda dhuinn comhairle a thoirt air daoine eile, ach cha 'n eil e idir furasda dhuinn comhairle a ghabhail. Mar a's trice, is e ar fìor charaid a bheir comhairle oirnn. Ma shaoileas sinn gu bheil feum againn air comhairle, iarraidh sinn i, agus ma thachras gu 'm bi a' chomhairle a gheibh sinn a réir ar beachdan fhein gabhadh sinn i. Ach ma bheir caraid comhairle na còrach oirnn gun iarraidh, is docha nach bi mor-mheas againn oirre. Ma bhios e ro thrìc a toirt comhairle oirnn, is dòcha gu 'n caill sinn ar meas araon air a chomhairle, agus air fhéin.

Tha dòigh chumanta ann air comhairle a thabhairt nach eil idir taitneach do 'n chuid a's mo de shluagh an t-saoghail. Their iad-Nam bithinnsa 'na d' àite-sa, dheanainn sid, no dheanainn so. Nam bu mhise thusa cha 'n abrainn 's cha deanainn a leithid sid no leithid so. An uair a chluinneas daoine briathran de 'n t-seòrsa so, their iad mar a's trice 'nan inntinnean fhéin: A charaid, cha mhise thusa, agus cha tusa mise, agus air an aobhar sin ni mise mo thoil fhéin, agus dean thusa do thoil fhéin.

Tha moran dhaoine ann air nach bu chòir dhuinn comhairle a thabhairt idir. Cha 'n eil feum sam bith comhairle a thoirt air amadan; oir ni e tàir air gliocas agus air foghlum, agus tha a shlighe ceart 'na bharaill fhéin. Cha mhò na sin a tha feum dhuinn comhairle a thoirt air neach sam bith a tha fada 'na bharaill fhéin. Tha sean fhacal ann a tha 'g ràdh, gu bheil "Comhairle a thoirt air mnaoi bhuirb, mar bhuilte ùird air iarunn fuar."

Tha briathran Chrìosd a' daingneachadh na cùise so. Tha e ag ràdh -"Na toiribh an ni naomh do na madraidh, agus na tilgibh bhur nèamhnuidean 'am fianuis nam muc, air eagal gu 'n saltair iad orra le 'n casan, agus air pilltinn daibh gu reub iad sibh fhéin as a chéile."-Mata vii. 6.

Tha àm ann air son gach ni fo 'n ghréin. Tha àm ann gu comhairle a thoirt air daoine, agus ma ghabhas sinn an t-àm ceart, faodaidh sinn math a dheanamh.

Ma gheibh sinn comhairle o charaid biodh meas againn araon air a' chomhairle, agus mar an ceudna air ar caraid a bheir dhuinn i.

An rud air nach bi meas againn tilgidh sinn uainn e.

Is dìleas duine dha fhéin.

Tha na briathran so a' teagasg dhuinn gu robh daoine ann 's an àm a dh' fhalbh nach robh cho dìleas ann an obair dhaoine eile 's a bhiodh iad 'n an obair fhéin. Tha so mar so a dh' ionnsuidh an latha 'n diugh. Ann an gnothaichean na beatha so tha daoine, mar a's trice, dìleas dhaibh fhéin. Ach a thaobh an caitheamh-beatha 's an giùlan, tha moran dhaoine ann a tha anabarrach neo-dhìleas dhaibh fhéin. Le bhith fo riaghladh ana-miannan na sùl, agus uabhar beatha, tha iad a' deanamh barrachd ulle orra fhéin na 's urrainn neach sam bith eile a dheanamh orra. An seirbhiseach a bhios a' cur seachad na h-ùine an uair bu chòir dha bhith 'g obair, tha e neo-dhìleas d'a mhaighstir, agus air an dòigh cheudna, am fear a ni mì-bhuil de 'n ùine a thug Dia dha gu bhith 'ga thogail féin suas anns a' chreideamh ro naomh, tha e neo-dhìleas araon dha fhéin agus do 'n Dia a chruthaich e. Is e am fear a chaitheas an ùine ann a bhith 'deanamh gach ni a gheibh a lamh ri 'dheanamh le a dhìchioll, agus air am bheil eagal an Tighearna, an aon duine mu 'm faodar a ràdh gu bheil e dìleas dha fhéin.

Am fear a gheibh a thoil fhéin aig gach àm, theid a sgrios aig a' cheann mu dheireadh.

Tha h-uile neach gu nàdurra ag iarraidh a bhith 'deanamh a thoil fhéin. Cha luaithe a thig an leanabh gu dad de mhothachadh 's de thuigse na thòisicheas e ri bhith 'g iarraidh a thoil fhéin. Is e bhith 'cumail na cloinne e bhith deanamh an toil fhéin an earrann a's mo de 'n dleasdanas a th' aig pàrantan ri choimhlionadh. An leanabh a gheibh a thoil fhéin, cha bhi ann ach mughan bochd air nach bith rath no tlachd gu bràth. Is minic a bha 'n t-aon mhac air a mhilleadh, a chionn gu 'n d' thug a phàrantan tuilleadh 's a chòir de thoil fhéin dha. Thuit a' cheud Adhamh o'n staid naoimh agus shona anns an do chruthaicheadh e do bhrìgh gu 'm b' fhearr leis a thoil fhéin a dheanamh na toil an Dé a chruthaich e. Thuirt an dara Adhamh—"Cha 'n eil mise ag iarraidh mo thoil fein, ach toil an Ti a chuir uaithe mi. Is e mo bhiadh agus mo dheoch toil an Ti a chuir uaithe mi a dheanamh, agus 'obair a chrìochnachadh." Tha lagh Dhé agus dhaoine an aghaidh dhuinn a bhith 'g iarraidh ar toil fhéin. Tha 'n da aithne eile a' sparradh da dhleasdanas chudthromach oirnn, eadhon an t-Sàbaid a choimhead naomh, agus urram a thoirt do ar pàrantan. Am fear a tha 'g iarraidh a thoil fhéin a dheanamh, cha tric leis aon chuid an t-Sàbaid a choimhead naomh, no urram a thoirt d'a phàrantan.

Tha àireamh mhor mhiltean de sheirbhisich aig a' Bhan-rìgh, agus is e bhith 'cum-

ail dhaoine o bhith 'g iarraidh an toil fhein aig gach àm, an dleasdanas a's cudthromaiche a tha aca ri 'dheanamh. Is ann le bhith 'cumail dhaoine 'nan àite fhein, agus gun a bhith leigeadh leotha tuilleadh 's a chòir dhe 'n toil fhéin a tha sluagh an t-saoghail a' sealbhachadh saorsa aimsireil. Am fear a tha air a riaghladh le toil Dhé, agus a tha 'toirt umhlachd do lagh na rioghachd, tha saorsa aimsireil agus spioradail aige.

Faoghaid an Fheidh.

Bu chiùin, àillidh a' mhaduinn air an cualas tathunn nan gadhar ann an àird Choire Lùndai. Dhùisg am fiadh air a leabaidh luachrach, thog e 'cheann fiadhaich, chual' e 'n fhuaim a' tighinn air àile glan nam beann. Dh'fhàg e 'leaba luachrach san lagan uaigneach aig bun nan stùc, 's thug e air troimh 'n aisridh chumhaing, chas, gu bearradh nan creag. Le 'chuinnein fiadhta san t-soirbheas, agus a chròc chabarach àrd r'a faicinn eadar iad 's fàire, mhothaich an t-sealg do'n fhiadh. Sheas e car tamuill,—ceò glas, tana na maidne a' snàmh seachad air,—sheas an laoch, ag amharc, mar gum b'ann, le tàir air an fhaoghaid mhall-shiùbhlach a bha teachd air a thòir; ach co luath 's a thog iad ri uchd na sgàirneich air 'aisridh chorraich féin, thàr e as. Siùbhlar gu h-eutroin, uallach, troi'n mhòintich 's mu ghuaillibh bheann ag iarraidh dubhair, agus dìomhaireachd na coille ann an gleann a' bharraich. Ann an làn-earbsa á 'chàil agus a luathas féin, pillear gu grad air an t-silighe cheudna, a' ruith calg-dhireach an coinneamh na seilg. Anns gach car a's lùb a's iathadh, tha 'n fhaoghaid 'ga lorgachadh agus gu dian air a thòir. Thionndaidh e romhpa agus thugar as le luathas nan eang, gu dian, siùbhlach. Leagar a' chroca mòra air a dhruim, agus sinear as le luathas na gaoithe, làn-earbsach 'na lùs féin, agus suarach mu'n fhaoghaid fhaoin a bha 'ga ruagadh. Tha na gadhair mall, ach neo-mhearachdach air luirg. Troimh mhòinteich a's bhruthaichibh torimh choille 's troimh dhoire, troimh 'n fhrìdh uile gu seasmhach neo-sgìtheil, faic iad air a luirg. Tha e 'nan sealladh, chual' e'n tathunn, agus thug e as le luathas ùr. Faic e 'na dheann-ruith sìos troi'n choire, a mach troimh bhealach nam bò, nùnn troimh shlochd nan sionnach, suas ri uchd a' mhill àird, agus faidheòidh, gabhar fasnach agus tàirngear 'anail ann an doire na Beinne-mòire. Ach ciod so an fhuaim tha 'ga ruigheachd? Feuch an fhaoghaid a nis gu teann a' dlùthachadh! Air a luirg tha gach gadhar a' ruith; agus tha mac-talla o gach craig a' freagairt d'an tahum. Ghabh am fiadh mòr-eagal, agus teichear an tòir na greigh. Am measg chàich, air leis gum biodh e teàruinte, ach iadsan suarach mu'n chor anns am faic iad e, seachnaidh e agus fògraidh as a' ghreigh e gu tur. Air a thréigsinn le gach aon, agus fuaim nan gadhar 'na chluais, tha e fo uamhas, tha e 'clisgeadh, tha e 'togail air a rithist, agus le uile luathas agus lùs eang, tha e 'teicheadh 's gun fhios c'àite. Tha 'chàil, a chridhe, a spiorad uile anns an t-siubhal. Mo thruaighe! 's dìomhain a shaothair. Tha tathunn na h-oillt a' dlùthachadh, tha iad san t-sealladh, dh' fhalbh a mhisneach, tha 'chàil air fannachadh, thainig a luathas gu moille. Faic e san lagan ud thall

a' saothreachadh troi'n allt le ceum anmhunn, le gluasad na crùbaiche. Tha uaislean na seilg, tha luchd na faoghaid a' mothuchadh dha so, éisd an iolach àrd! tha beothachadh ùr ann an tathunn nan gadhar, tha iad aige! ciod so nì e? Cha'n 'eil fàth dòchais. Fo chuthach theich an t-eagal, thionndaidh an laoch cabrach, 'an taic stuic seana chraoibhe dharaich, seasar, 's cuirear an fhaoghaid uile gu dùlan. Faic a' cheud ghadhar glas a ràinig e, air bàrr a chròic, éisd donnalaich nan con!—tha'm fraoch dearg le'm fuil, 's tha ladhair an fhéidh a' saltairt 'nan gaorr, tha 'dhòchas a rithisc air dùsgadh, thug e aona chruinn leum àrd thairis orra agus a mach uapa fhuair e; ach, mo thruaighe! b'i so an oidheirp mu dheireadh, tha iad fhathast 'na dhéigh, cha'n 'eil tèaruinteachd dha air tìr; leigear e féin a mach air an t-sruth agus gabhar gu snàmh. Bha eilean bòidheach coillteach a mach o thìr, agus deanar g'a ionnsuidh; ràinig e'n tràigh, air a chlaoidh gu goirt, gun chàil gun mhìsneach a' feitheamh na faoghaid, faic e a' fannachadh le sgìos, agus ag ospagaich le geilt. Tha 'n t-sealg dlùth; thogadh caithream na buaidh tha 'n deur nach robh riamh roimhe air an t-sùil a nis a' tuiteim; tha e 'gabhail aon sealladh eile air a' choille 's air an doire air an robh e eòlach 's a thaoghail e ann an làithibh a shonais. Slàn leò gu bràth!—A chaidh cha siubhail e iad; tha luchd a chasgairt a nis r'a taobh: strìgh cha'n 'eil 'na chomas; tha'm buille dol g'a bhualadh; ach cò è uasal an àigh tha le aon fhocal a smachdachadh na faoghaid? cò è tha tighinn a nìos 'na dhianruith, tha 'faicinn an fhéidh tha 'gabhail truais? Cò è tha gairm, Leigibh as e! Faic gach gadhar air a cheangal suas; tha luchd na seilg balbh, 'nan tosd; tha cead nam beann aig an fhiadh; tha seorsa agus sìth, fasgadh agus tèaruinteachd a nis 'na shiubhal 's 'na ghluasad! Ach cò è an t-usal àrd? Thà an Rìgh d'am buin a' bheinn—rìgh na dùthcha, 's e thubhairt, Caomhnaibh am fiadh; thugaibh saorsa dha!

A leughadair! éisd agus thoir fainear; tha gliocas r'a tharruing o Phaoghaid am Féidh.

An cual thu riamh iomradh air no 'n d' fhiosraich thu féin faoghaid an anama le lagh Dhé—mar tha 'n t-anam air a chur air theicheadh o gach tèaruinteachd bhreugach mheallta, le iarrtais an lagha air a thòir, o àite gu àite, aig faidheòidh am bheil an t-anam air a shaoradh o fhéin—earbsa, agus air a tharruing gu a dhòchas uile chur ann an Criosd agus annsan amhàin airson tèaruinteachd.—Leabhar nan Cnoc.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN

DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 64]

[Vol. 6. No. 8. p. 8]

Oran do 'n Phiob Thombaca.

SEISD.

'S i mo ghaol a phiob thombaca,
Ged tha mi 'saoithreach 'gad lasadh,
Mur fàgadh tu m' aodunn cairtidh,
Ghab mi tlachd dhiot thar gach ni.

'S toigh leam thu 'sa mhaduinn reòta,
'Chuireadh tu blas feadh mo phòran;
'S 'nuair a thachradh duine còir rium,
Dh'fheoraichinn deth "'n gabh thu phiob?"
'S i mo ghaol a phiob thombaca, &c.

Ged robh càch a sior chair sios ort,
'S mise nach creideadh an sgiala-
Ged a robh mulad 'ga mo liathadh.
Thogadh tu gach fiabhras diom.

Cha 'n eil cailleach, 's cha 'n eil bodach
Ged robh fiodh as fraoch gu trod orr'
Nach tionndadh gu sith bho 'n chogadh
'Nuair gheibheadh iad toil dhe 'n phiob.

'S bho 'n a shin mi riut an eòlas,
'S tu mo thoilinntinn 's mo shòlas,
'S cha 'n ionndrainnean sùgh an eòrna
'Nuair theid do cheo air feadh mo-chinn.

An àm dol a chadal 'san oi'che,
Cha 'n iarrainn caidreabh ri maighdinn;
Na 'n cumadh tu toit us graoim rium,
Cha 'n fhoighneachdainn gu de phris.

Shaoil mi, 'nuair a bha mi gòrach,
Nach dianadh do chaidreabh gò dhomh;
Ach thug e tarraim air mo phoca
Na chaidh na do sgròban sios.

Ach 'nuair chuir mi suas do chùnntas,
'Sann a chithinn gnìomh do smùide,
'S chosd mi tuilleadh mor as pùnd riut,
'S cha robh dh' ùine ann ach mios.

Com na fiallachd, nach iarr airceas,
Lamh a riachaid an tombaca,
'M fear nach fiach 'na bhial a bhlas dheth,
Saoilidh e gur creach gach ni.

'S i mo ghaol a phiob thombaca,
Ged tha mi saothreach 'gad lasadh;
Mur fàgadh tu m' aodunn cairtidh
Ghabh mi tlachd dhìot thar gach ni.

Duanag le Saighdear Muileach.

LUINNEAG.

O ho rò, a nigh'n donn,
A nigh'n donn bhoidheach,
O ho rò, a nigh'n donn.

Gur-a mis' tha fo airtneal,
'S mi fo bhrataich rìgh Deòrsa.

Is mi giùlan a ghunna

Ann an cuideachd a choirneil

Thainig litir nach b' éibhinn
A Duneideann nar còmhail.

Fhuair sinn òrdugh bhith mearsadh
Gu sràid aird nan ceum còmhnard,

Gu sràid aird nan ceum, socrach,
Leis nach dochainnear brògan.

Bha fife fhuaimeach is drumma
Ga ar cumail an òrdugh;

'Dol air bòrd ann an Lìte;
'S rinn sinn cinnteach as seoladh.

Bha luchd-chotaichean ruadha
Gan cur suas an deagh òrdagh;

Luchd nan còtaichean gearra
Gan cur thairis do 'n Olaind.

Gur h-ann feasgar Di-sathairn
Thug sinn 'n cath. a bha dòineach,

'S iomadh te bha gun cheile
'N am éirigh Di dòmhnaich.

Agus nighean fir fearainn
'Bha na laighe na h-ònar;

'N déidh a céile 'thoirt uaipe,
Is nach fuasgaileadh òr e;

E na shìneadh 'san luachair,
'S fhuil mu 'ghuaillibh a dòrtadh.

Bidh a ceann air a cluasaig
'S i ri brudaran neonach.

'S iomadh òganach riomtrach
Bha na shineadh gun deo ann

Fo throm phudhar nan cannan,
A call fala le dòruinn.

Thoir mo shoiridh thar mhonadh
'Nunn gu Muile nam mor-bheann,

Far an goireadh a chubhag
Anns gach bruthach roimh bhealltainn.

'S thoir mo shoiridh gu m' mhathair,

Bhon 's i dh' araich as m' òig' mi,

Soiridh eile gu m' phiùthair,
'Tha gam chumhadh gu brònach.

Is an t-soiridh s' gu m' leannan,—
Theid mi dhachaidh ma 's beo mi,

Cha do dh' fhàg mi thu idir;
Tha do litir am phoca.

GLEANN-A-BHAIRD.

Laoidh.

Mo làithean tha ad làimh;
Mo Dhia, 's e sin mo dheòin;
Mo bheatha, m' anam, 's luchd mo ghràidh,
Earbam ri d' mhaitheas mòr.

Mo làithean tha ad làimh,
Ge b'e a dh' iarras tù;
Ma 's dorch' no soillse, bròn no àgh,
An nì is fheàrr ad shùil.

Mo làithean tha ad làimh:
C' uim' geilt is teagamh bochd?
Làmh m' Athar ghràidh cha 'n fhág gu brath
A leanabh caomh fo sprochd.

Mo làithean tha ad làimh,
Mo Shlàn'ghear céusda gràidh!
Do làmhan leònt' le m' pheacadh mòr,
'S iad nis m' aon iùl 's mo stà.

Mo làithean tha ad làimh,
Riut earbaidh mi a ghnàth;
'S aig do làimh dheis, an déigh mo bhàis,
Bidh mi leat shuas gu bràth.

BEAG ACH MOR

Is beag an nì botul de <eng>K. D. C.<gai> a thaobh meudachd, ach
'nuair a ghabhas tu na bhios ann air son tinneas-stamaig, chi thu
cho mor 'sa tha e.

IS E LEIGHSEAS GACH SEORSA DE THINNEASAN-STAMAIG.

Tha daoine mora agus matha America 'g a mholadh, oir chuir iad
deuchainn air. Na 'm biodh botull dolair de <eng>K. D. C.<gai> air a
dheanamh 'na stuth tana lionadh e càrt: mar sin tha e math agus tha
moran ann dheth. Cuir a dh' iarraidh sampuill.

Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air tinneasan cuim.

<eng>K. D. C. COMPANY, Limited,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia. -agus- <eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

[TD 65]

[Vol. 6. No. 9. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 27 OGUST, 1897. No. 9.

A <eng>New Zealand.<gai>

MARBHADH NAM MUCAN-MARA.

Bha mi toirt dhuibh naigheachdan air na mucan-mara bhi tighinn air tir air na cladaichean so bho àm gu am mar dhearbhadh air iad a bhi pailt. Bha an dùthaich so ainmeil o chionn iomadh bliadhna air son i bhi 'gan iasgach. Bha moran shoithichean a' taghall na h-acarsaid d'an ainm Russell air son a bhi air an ullachadh leis na h-uile ni air am bitheadh iad feumach. Air cuairtean nan soithichean so bhiodh cuid de na sgioba a' teicheadh anns na h-eileanan air am biodh iad a taghall. Bhiodhte an sin a' gabhail Mhaoiries nan àite; bha iad-san tapaidh, làidir, agus furasda 'n ionnsachadh. Bha iad so mhath air glacadh nam mucan-mara agus air deanamh gach seòrs obrach timchioll orra. Leis an eòlais sin chaidh àiteachan-iasgaich a shuidheachadh air rudhachan, bho thuath gu deas an taobh an ear na duthcha. Roghaicheadh iad àite a bhiodh fasnach air son nam bàtaichean a tharruinn sàbhailte gu tir, agus lamh ri cnoc àrd far am faiceadh iad a' mhuc a' séideach. Bhiodh goileadair mor air uidheamachadh air son an t-saill a leaghadh gu olla. Thuit pris na h-olla cho mor 's nach eil an diugh ach aon sgioba soithich ris an obair; tha iad sinn ann an Russell a dh' ainmich mi cheana. Tha na mucan-mara 'dol gu deas anns an t-samhradh gus an ruig iad am fuachd. Tha iad an sin a grad-thilleadh air ais dh' ionnsuidh a bhlàiths, agus a taghall aig an dùthaich so san dol seachad. Tha iad a cumail faisg air tir agus creagan, far am bi uisge domhain; tha seòrsa de bhàirnich a fas air an craicionn, agus 's math leotha bhi faisg air na creagan gus sin a sgriobhadh dhiubh.

Tha àite àraidh mu leth-cheud mìle tuath air an àite so a tha ainmeil air son glacadh mhucan-mara. Tha lùb anns an oirthir, agus creag mu cheud slat bho thir; agus tha uisge gle dhomhainn anns a' chaol. Thug na h-iasgairean fa near gu robh na mucan-mara 'dol daonnan troimh 'n chaol sin, agus rinn iad innleachd air son an glacadh. B'e 'n dòigh a ghabh iad lion a chur tarsuinn beul a chaoil. Tha an lion sin air a dheanamh air buill iarunn da òirleach us cairteal a thiughead. Cha 'n eil snaim air idir mar a bhios air lin eile; tha gach ròp air dhluthachadh ann an ceanglachan a tha air a ghlasadh ann an cuairteig iarunn mu thri òirlich an croislin; tha so air a h-uile oisinn de'n lion; leis na ceanglaichean so fhuasgladh tha a mhuc-mhara saor. Tha an lion deich aitheamhan a dhoimhnead; agus mu fhichead aitheamh a dh' fhad, agus 'nuair a theid àireamh mhor mhìrean mar so a chur ri chéile, bidh an t-iomlan còrr us ceud aitheamh gu léir. Theid an lion a chur tarsuinn beul a chaolais, agus buideil mhora air an àite àrcan. Cha teid a cheangal ro thearuinte; cha bhi a bhristeadh cho mor 'nuair thig teann air. Thig a mhuc 's i 'n duil an lion a sgriobhadh air falbh leatha, agus

's ann an sin a bhios an ùpraid; cha bhi e idir socrach leatha an lion a bhi m'a ceann agus m'a dh' fhaidte a ruighinn seachad air a h-earball. Tha na bàtaichean deiseil, le'n cuid ghathan us innealan-marbhaidh eile agus an ùine ghoirid tha a' mhuc air a cothachadh. Air a bhliadhna so tha bàta beag smùide aca air son riuth astar fada. Tha na cloaichean air an taruinn gu acarsaid a tha faisg air sin d' an ainm Whangamumu, far am bheil laimhrig, taighean agus goileadairean mora air son an t-saill a leaghadh. Tha muilleam ann cuideachd anns am bheil na cnamhan air am bleith 's air an deanamh freagarrach gu bhi air an cur a mhathachadh fearainn. Tha an fheoil, am mionach, agus gach òtrach us eile air an cur gu feum mar an ceudna; cha 'n 'eil ni gun fheum fhéin. Cha b' àbhaist do'n sgrìoba ghlacadh ach ceithir no coig gach bliadhna, ach leis an innleachd ùr so, ghlac iad o chionn da bhliadhna mu fhichead muc-mhara. Cha 'n eil iad cho pailt aig an àm so leis an aimsir a bhi cho blàth; cha do ghluais iad o'n fhuachd fhathast.

IAIN ROTHACH.

Rudha Mharsden, N. Z., 7, 7, '97.

Eachdraidh Innse Gall.

Tha fios agaibh gun d' thug fear Mr. Màrtainn sgrìob air feadh nan eileanan o chionn dà cheud bliadhna. Sgrìobh e leabhar air na nithean a chunnaic agus a chual e. Fhuair mi grein o chionn ghoirid air a chuid mhòr do na sgrìobh e mu thimchioll Leòdhas, agus fhuair mi mòr thoileachas ann a bhi 'ga leughadh. Is ann 'am Beurla a sgrìobh Mr. Màrtainn, ach smuainich mi gun tugadh e taitneas do chuid do mo luchd-duthcha a bhi a leughadh nan cainnt fein, am beagan so do sheann eachdraidh an eilean. Tha Mr. Màrtainn a sgrìobhudh mar a leanas. "Is e na pòran a tha iad a reic an so, eòrna, corca, agus seagal <eng>(rye), <gai> agus tha aca mar an ceudna lion agus còcrach. Tha muinntir an eilean a braicheadh iomadh seorsa deoch, mar a ta an t-uisge beatha cumanta, agus a ris fear ris an abrar iad treas-tarruing' (treas-tarrig). Tha e so laidir agus teth agus their muinntir an aite ris 'uisge beatha Baul.' Tha da' làn spàinne gu leoir dhe an fhear so, agus ma dh' olas neach barrachd air a sin cuiridh a stad air anail, agus cuiridh e a bheatha ann an cunnart. Tha an dà sheorsa deoch so air an deanamh de chorca.

"Mun cuairt air seachd mìle a deas air Steòrnabhagh tha acarsaid mhaith ris an canar na 'H-eileannan Beithe' <eng>(Birken Isles)<gai> an taobh a stigh do na Bhàgh ris an canar Loch Chalum-Chille. Tri mìle a deas air a so tha Loch Erisfjord. Tha muinntir an aite a cleachdadh moran eathraichean cuideachd, a ruith an deigh na mucan-mara, ga leantuinn a stigh do na bàigh, gus an lot iad aon dhiubh gu bàs, agus an sin ruithidh i gu tir. Tha a chuid mhor do na mucan-mara air an itheadh leis na daoine cumanta. Tha moran do Chromheal goirid <eng>(coral)<gai> a fas air cladach an eileain so. Tha e mu'n cuairt air sia òirlich air fad agus cho tiugh ri ite geoidh. Tha moran dheth a fàs air cladach Loch Shifjord. Tha seann chleachdadh aig muinntir Bharbhais a bhi a cuir duine air a cheud la de na

Chèitean seachad trath 'sa mhaduinn air Amhuinn Bharbhais a chum agus nach d' theid boireannach seachad orra an toiseach, oir tha iad ag radh nan tachradh sin gun cumadh e na bradain fo dhol suas air an amhuinn fad na bliadhna."

Tha cuid de thobraichean an so aig a bheil buaidh iongantach, mar a ta an tobar aig Loch Càrbobhadh nach gealaich anart ged a chaidh fheuchain gu tric le muinntir an aite. Cha bhruich an t-uisge ann an tobar Eaglais Còstens biadh sam bith ged a robh e a goil fad la. Tha tobar Anndra an Siadair air a cleachdadh an uair a bhios duine tinn airson a dhearbhadh ma dh' fhàsas an duine slàn no nach fas. Cuiridh iad neach le saitheach fiodha a dh' iarraidh beagan dheth an uisge, leigidh an duine sin an soitheach gu socrach air uachdar an uisge agus ma thionndaidheas an soitheach deiseal thig an duine air adhart ach ma's ann tuathal bàsaichidh e. Tha caochladh dhaighnichean, cuid gu nadurrach, agus cuid air an togail le lamhan anns an eilean so, mar a ta Dun-Othail, Dun-Coradil agus Dun-Eisten. Tha dun beagan mhiltean a tuath air Bragair air a dheanamh do chlachan mora. Tha e cruinn agus a fas caol na mhullach agus tha e trì stòir air arda. Tha am balla dùbailt agus tha moran staidhreachan agus dhorsan ann agus mar sin is urrain neach a dhol timchioll an taobh a stigh dheth na ballachan. Tha moran charn chlach air a chruinneachadh air onuic agus cuid dhiubh fada fo aite sam bith ann a bheil clachan mar a ta Cairnwarp faisg air Beinn Mhùrnag."

[TD 66]

[Vol. 6. No. 9. p. 2]

CLEACHDANNAIBH NAN GAIDHEAL ANNS NA H-AMANNAIBH A DH' FHALBH.

Is mòr an tàing a tha dligheach do 'n Tì a ta 'riaghladh os ar ceann gu 'm bheil sìth agus suaimhneas 'n ar tir agus gu 'm bheil sinn fein agus ar cuid air ar dìonadh o gach reubainn agus spùilleadh a bha air an cleachdadh anns gach cearnadh dhe 'n Ghaidhealtachd ri linn ar roimh-aithriche. Is lionmhor cath fuilteach agus creach dhéistinneach, air am feudadh cunntas a bhi air a thoirt, a thachair anns an dùthaich far an d' rugadh sinn eadar na fineachan. Cha robh a' Ghaidhealtachd anns na h-amannaibh sin, mar a tha i an diugh, air a dìonadh le laghannaibh cruaidh agus cothromach, agus bha a' bhuil air a' ghnòthuch, oir bha gach nì anns na làithibh buaireasach sin an crochadh ri faobhar a' chladheimh, agus b' iad na fineachan bu chliùitiche iadsan bu diorrasaiche chum gach creach agus sgrios a chur air an aghaidh.

Tha 'n fhirinn gu 'n robh cùisean mar sin, air a deanamh soilleir leis an iomradh a ta againn ann an eachdraidh air gach aimhreite agus tagluinn a bhn eadar na cinn-fheadhna o shean; ach is iomadh gnìomh cruadalach a rinneadh air am bheil eachdraidh na rioghachd gu tur 'n a tosd, agus air am bheil iomradh againn a mhàinn trid béul-aithris. Nach lionmhor gnìomh euchdach agus allail a rinneadh ann an garbh-chrìochaibh na h-Alba, ri linn an tréun-laoich ghaisgeil sin Rob Ruadh Mac Griogair! Bha Rob Ruadh 'n a chuiridh làidir agus

teòma, ach an déigh sin rinneadh iomadh euceart agus fòirneart air,
agus feudar a radh m'a thimchioll:-

Chaidh e stigh do na blàraibh,
Le mòr-shunnd agus làn toil;
'N àit bhi meath-chridheach, sgàthach,
'S ann bha mhisneach 'sir fhàs da;
'S ged bu tric e 's an àr-fhaich'
Thug a thuigse 's a thàbhachd,
Da a mach a' bhuidh-làrach,
'S cha bu mhios a làmh air an tòir.

Ach aimhreiteach 's mar bha staid na dùthcha ann an làithibh Roib Ruaidh, bha i moran ni bu mhiosa linntean roimhe sin, an uair a bha beatha agus bàs gu h-iomlan ann an làmhaibh nan ceann-feadhna. Ach dh' aindeoin gach fuil a dhòirteadh, cha robh e an comas lagh na rioghachd an toirt fo smachd. Co-dhàingnichidh an sgeul a leanas sin agus ioma sgeul eile a dh' fheudadh a bhi air an aithris cosmhuil rithe.

Goirid o cheithir cheud bliadhna roimhe so rugadh oighre air Gart, aig bun Ghlinn-Liobhainn do 'n d' thugadh cìoch le t'e de Chloinn Dhiarmaid. Bha dithis mhac aice, aon diubh comh-dhalta do oighre Ghairt, agus am fear eile na bu shine na sin. Dh' fhàs an t-oighre suas 'na òganach sgiamhach agus gaisgeil, agus cha robh a chomh-dhalta a bheag sam bith air deireadh air, a thaobh misnich agus tàbhachd. Aig an àm sin bha an earrann bu mho de Ghleann-Liobhainn le cloinn Iabhair, cinneach dalma agus cruadalach, a chaill còir air an oighreachd goirid an déigh do 'n sgeul a leanas tachairt. Dh' éirich aimhreite eadar am mac a b' òige bh' aig banaltrum oighre Ghart, agus aon de chloinn Iabhair; agus air do 'n òganach moran tàmailt fhaotainn thubhairt e ri Mac Iabhair, "Mar is beò mise, a Mhic Iabhair, bheir oighre Ghart ort gu 'n diol thu air son so fathast." Dhealaich na fir agus cha do chaill an t-òganach agus a bhràthair uine sam bith gus an d' thug iad Caisteal Ghart orra, a chur an ceill do 'n uachdaran mar a thachair. Chual Clann Iabhair gu 'n do ghabh na h-òganaich an t-slighe gu Gart agus air ball, chuir iad an ruaig orra. Thàinig iad air an da bhràthair gun fhios gun aire dhoibh, ach air doibhsan an cunnart fein fhaicinn ghrad léum iad a stigh do linne dhomhainn ann an Liobhainn 's an dòchas nach leanadh Clann Iabhair leis an eagal iad. Ach ged nach deachoidh Clann Iabhair a stigh do 'n amhainn, gidheadh, thilg fear diubh saighead air na h-òga bha 's an linne,-leònadh comh-dhalta Ghart gu searbh,-thuit e sìos do ghrunnd na linne, agus bhàthadh e. B' e Dòmhnall Mac Dhiarmaid a b' ainm da, agus goirear, "Linne Dhòmhnall" ris an àite gu ruig an là an diugh! Fhuair an t-òganach eile comas teichidh, agus ràinig e Gart. Dh' innis e do 'n tighearna òg mar a thachair, agus air da a bhi làn corruich air son mar a bhuin Clann Iabhair ri chomh-dhalta, chuir e roimhe bir ball aichmheil a thoirt a mach, agus a bhàs a dhioladh. Chruinnich e gu h-ealamh a chuid daoine, agus ràinig e Gleann Liobhainn air an ceann. Air do Mhac Iabhair cùisean a thuigsinn, chruinnich esan, mar an ceudna, a luchd-leanmhuinn fein, agus chòmhlaidh e Gear-Ghart aig meadhon a ghlinne. Air do na seoid coinneachadh, chuir iod fàilt air

a chéile, agus labhair iad dh' fheuchainn an rachadh cùisean a shocrachadh gu 'n bhuille a bhualadh. Bha breacan air guaillibh Ghart air an robh taobh dearg, agus taobh dorch, agus thuirt e r'a chuid daoine, iad a bhi deas gu bualadh air na naimhdibh gun mhoille, gun bhàigh, na 'n cuireadh esan taobh dearg a' bhreacain a mach! Is gann a thug e an àithne so seachad, an uair a rinn Mac Iabhair fead, agus ghrad leum moran dhaoine fo 'n làn armachd á bad coille a bha goirid o laimh, agus sheas iad maille ri 'n ceann-cinnidh, agus ris na fearaibh a bha còmhladh ris, a labhairt ri Gart. "Co iad sin," ghlaodh Fear-Ghart, "agus ciod an gnothuch an so?" "Is iad sin," ars' Mac Iabhair, "treud de na h-earbaibh agamsa, a ta léumnaich air feadh nan tonn agus nan creag." "Direach ceart," ars an t-òigear eile, "ma 's ann mar sin tha 'chuis, tha 'n t-àm agamsa a bhi 'gairm mo mhiol-chon." Ghrad-thionndaidh e an taobh dearg de 'n bhreacain a mach, agus am priobadh na sùla, bha na fir am badaibh a cheile. Car ùine bha 'n tuasaid teth agus garg, agus bha cloa chean nam marbh 'n an luidhe gu tiugh air an raon. Ma dheireadh, theich a' chuid a bha lathair de chloinn Iabhair,—thug iad na beanntann orra, agus a mach o'n là sin chaill iad am fearann. Tha e air innseadh nach bu mhor a chaill Gart anns an tuasaid sin, ach gu 'n do thuit corr agus seachd fichead de na Liobhannaich thruagha, agus gu'n d' fhàgadh an cloaichean gu 'n deo re na h-oidhche air na raointibh far an do thuit iad.

Tha iomadh cuimhneachan air an là fhuilteach sin fathast anns a' Ghleann an do thachair e. Mu 'n do thòisich an cath, thilg fir thighearna Ghart an cuarain bhàrr an cosaibh, a chum gu 'n ruitheadh iad na bu luaithe air an tòir, agus theirear "Leac nan cuaran" fathast ris an àite 's an d' rinn iad sin. Tha mar an ceudna "Rùisgeach," "Lagan a' chatha," agus "Camus nan càrn," mar ainmean fathast air na h-àitibh sin far an do rùisg iad an claidhean,—an do chuir iad an cath,—agus an d' adhlaic iad na daoine a thuit. Tha 'n amhainn fein 'n a cuimhneachan air an là fhuilteach sin, oir roimh an àm sin, b'e "Duibh" a b' ainm do'n amhainn, agus "Gleann Duibh" a b' ainm do 'n ghleann. Ach an uair a phill Fear-Ghart agus a chuideachd o'n ruaig, "líobh" no ghlan iad an claidhean fuilteach anns an amhainn, gus an robh an t-uisge dearg; agus an sin, ghlaodh an ceann-cinnidh a mach, ag ràdh, "Cha ghoirear 'Duibh' mar ainm air an uisge so tuilleadh, oir, o là liobhaidh nan arm, bithidh 'Líobhann' mar ainm air 'Duibh.'"

Féudar a nis cunntas a thoirt air la fuileachdach eile a thachair goirid o'n àite cheudna, beagan bhliadhnaichean roimh àm na téugmhail eadar Fear-Ghart agus Mac Iabhair.

Thàinig tighearn Airdghobhar air sgrìob do Raineach, agus phòs e nighean do thighearna Shruthain, ceann-cinnidh Chloinn-Dhonnachaidh. An uair a thug fear Airdghobhar a bhean fein leis dh' ionnsuidh a' chaisteil fein, chuir Fear Shruthain coignear ghillean sgairteil maille ri 'nighinn, a bha 'n an càirdibh dileas dh' i fein, agus anns am feudadh i a h-earbsa a chur am measg choigreach. Thug uachdaran Aird-ghobhar seilbh fearainn do 'n choignear òganach sin dlùth d' a h-àite comhnuidh fein, agus rinn e gach ni 'n a chomas chum gu 'n soirbhicheadh leo. Bha iad measail aig muinntir

Airdghobhar air sgàth na baintighearna, air an robh mor-mheas aca, agus cha 'n eil teagamh, nach gabhadh iad fein, agus an sliochd 'n an déigh comhnaidh air fearann Airdghobhar, mur b'è mar a thachair. Bha gach aon de 'n choignear a chaidh á Raineach, tréun agus gaisgeil, ach thug am fear bu lugha dhiubh barrachd air càch uile do thaobh gaisg' agus tapachd, ach gu sònraichte do thaobh a theomachd eucaich le bogha agus le saighid. B'è Alasdair Beag Mac Dhonnachaidh a' b' ainm do 'n òganach ealanta so, agus cha b' fhad gus an do dhùisg a lùth-chleasan eud agus gamhlas ann an cridheachaibh luchd-leanmhuinn Airdghobhar 'n a aghaidh. Là de na

[TD 67]

[Vol. 6. No. 9. p. 3]

làithibh dh' éirich connsachadh eadar Alasdair Beag agus òganach sgiamhach eile de mhuinntir Airdghobhar. Chaidh na fir am fionnsgan a chéile, ach cha b' fhada gus an do leag Alasdair Beag an t-òganach gun deò air an làr! Cha deanadh fuireach feum tuilleadh; b' éigin do Mhac Dhonnachaidh am fireach a thoirt air. Thug e na buinn as air ball, agus cha do ghabh e tàmh no fois gus an d' ràinig e a cheann-feadhna euchdach agus cruadalach fein, "Iain Dubh Gear," no mar a theireadh iad ris, "Iain Dubh nan lann," a bha 'gabhail comhnaidh ann an Gleann Duibh, ris an abrar a nis Gleann-Liobhainn. Dh' innis e do 'n tréun-laoch Iain Dubh, mar a dh' éirich dha ann an Airdghobhar, agus thubhairt Iain ris, "Cha 'n eagal duit, a Mhic Dhonnachaidh; gabh fasgadh fo m' sgéith-sa, agus ma thig mac màthar á Airdghobhar a chur dragh' ort, cha teid e dhachaidh a dh' innseadh a sgeoil.

Fàgaidh sinn a nis Iain Dubh agus Alasdair Beag ann an Gleann-Liobhainn, a' tighinn air an gnìomharaibh gaisgeil fein fa seach, agus theid sinn le 'r sgeul, car tamuill bhig do Shrathghlais, ann an siorramachd Inbherneis. Air là àraidh bha 'n Siosalach, uachdaran Shrathghlais, agus buidheann thaghta maille ris, a mach a' sealgaireachd air feadh nam beann. Air doibh a bhith air an sàruchadh le siubhal nan beann, chaidh iad a steach aig cromadh an anmoich do bhothan bantraiche truaighe, a bha ri taobh an rathaid, agus gun a cead iarraidh mharbh agus dh' ith iad an t-aon laogh a bha air a seilbh. Co a thachair a bhi stigh 's an àm ach duine bochd á Gleann Liobhainn, a bha siubhal o àite gu àite ag iarraidh na déirce. Cha robh na cùisean a' còrdadh ris an duine bochd, air chor sam bith, agus thòisich e ri bhi 'cur dheth agus a' gearan. Thionndaidh an Siosalach, agus thubhairt e, "Ciod a tha 'cur ort, a bhodaich leibidich, dhranndanaich?" "Cha 'n eil a bheag," deir an duine bochd, "ach tha fios agam air aon ni, 's cha bhinn leat a chluinntinn,—tha fios agam far nach biodh a chridhe aig an t-Siosalach e fein a ghiulan mar a rinn e 's a' bhothan so." Las an ceann-cinnidh uaibhreach le corruich, agus thubhairt e, "Innis domh, a bhodaich, c'àit nach biodh a chridhe agamsa mo thoil fein a dheanamh?" "Tha," deir am bodach, "ann an dùthaich Iain Duibh nan lann." Mhionnaich an Siosalach gu 'm biodh dearbhadh aigesan air sin mu 'n rachadh moran làithean seachad. Thuig an duine bochd nach

biodh cùisean réidh, agus cha do chaill e ùine sam bith gus an d' ràinig e Iain Dubh nan lann, agus gus an d' innis e dha focal air an fhocal mar a thachair. Fhuair Iain Dubh coire mhor do 'n duine bhochd air son a luathais-theanga, ach thug e maitheanas da, agus thòisich e air gach ni a dheanamh deas air son teachd an t-Siosalaich. Cha b' fhad a chuir an Siosalach dàil 's a' ghnòthach, oir cha deachaidh seachdain thairis, an uair a bha fir Shrathghlais, agus an uachdaran air an ceann air fraighibh Ghlinn-Liobhainn. Bha freiceadan aig muinntir a' Ghlinne a mach a ghabhail beachd air gach beinn agus beallach, agus chunnaic iad na Tuathaich naimhdeil a' tarruing am fagus. An uair a roghnaich an Siosalach àite-taimh freagarrach air a shon fein, agus air son a cheatharnach, chuir e teachdaireachd dh' ionnsuidh Iain Duibh, ag innseadh dha cuirm a bhi deas aige air son beagan cuideachd a bha teachd a dh' amharc air o'n àirde-tuath; "agus mur bi,"-ars an Siosalach, ach cha dubhairt e tuilleadh. Fhuair Iain Dubh an teachdaireachd, agus thuig e gu ro mhaith a seadh. Ghrad chuir e fios air ais gu 'm biodh gach ni deas a bha freagarrach air an son, agus iad a thighinn air an aghaidh gu h-ealamh, "ach," ars Iain Dubh, "ma thig,"-agus stad e an sin. Thuig na laoiach air gach taobh gu 'n robh na cùisean gu bhi garbh, agus air gach taobh rinneadh gach uidheamachadh air a son. Chaidh na Siosalaich gu faiceallach air an aghaidh, agus bha Iain Dubh mar gu 'm b' ann air eutromas-céille le mire-chatha, chum deannas cruaidh, teth, a thoirt doibh. Bha seachdnar mhac aige, òganaich co ealant' agus clis 's a ghiulain riamh iubhar, agus saighead, agus dòrlach! Chaidh ceathrar diubh air laimh dheis an athar, agus an triuir eile air a laimh chli, maille ris an robh mar an ceudna, Alasdair Beag Mac Dhonnachaidh, a bha comharraichte 'n a linn fein air son cuimse a ghabhail le saighid. Thairinn an Siosalach air ceann a chuid dhaoine, chum na h-aibhne, an uair a bha na Liobhannaich thall fa 'n comhair air an taobh eile. Bha ceann-feadhna Shrathghlais air éideadh o 'bharr gu 'bhonn le lùirich-lannaich, clogaid, agus ceann-bheart, air chor 's nach ruigeadh saighead air a leonadh. Bha 'n là soilleir, grianach, teth, agus chunncas gathanna na gréine miltean air astar, a' dearrsadh mar ghrad-bhoisgeadh an dealanaich air armachd nan laoch! Thog an Siosalach a chlogaid suas os ceann a shùl, agus air a' mhionaid sin thilg Alasdair Beag saighead a bhuaill an clàr an aodainn air ceannard Shrathghlais! Ghrad spàrr an duine leònta a làmh, air an lot, ach ghlaodh Mac Dhonnachaidh, "A Shiosalaich, gheibh thu an t-saighead air do chùlaobh,"-ach bha 'n Siosalach gun chomas freagairt, oir thuit e marbh 's an làraich. Tha 'n t-àite far an d' thug e suas an deò fathast air a chomharrachadh a mach le cloich mhoir, ris an abrar gus an la 'n diugh,-"Clach an t-Siosalaich." An uair a chaill na naimhdean an ceannard, threig am misneach iad, agus thionndaidh iad an cùl air na Liobhannaich. Chuir Iain Dubh Gearr an ruaig orra, agus cha d' fhàgadh mac màthar diubh beò, ach am piobaire a mhàin. Thugadh cead dhàsan dol dhachaidh a dh' innseadh sgeul a' bhròin d'a chàirdibh agus d'a chinneadh. Beagan an deigh sin thug Iain Dubh nan lann a nighean 'n a mnaoi do Alasdair Beag Mac Dhonnachaidh, agus tha e air aithris gu 'm bheil an sliochd-san fathast lionmhor anns na crìochaibh sin.

Bha na h-amanna sin searbh agus garbh, ach chaidh iad seachad. Uime sin, biodh an luchd-leughaidh uile, agus muinntir na tire gu leir,

taingeil do 'n Uile-chumhachdach, nach eil eòlas aca air na h-amannaibh sin, ach a mhàin ann an iomradh, agus ann an eachdraidh.— SGIATHANACH, 'sa Ghaidheal.

Calldachadh na Mnatha Ceannlaidir.

Bha tuathanach, uair a bha sud, ann an Craignis ann am baile d' an ainm Barrabaathan, agus cha robh aige ach aon nighean. Bha an nighean so na 'searbhanta air leth math, ach bha i air a milleadh le a màthair, agus air di a bhi mallaichte, ceannlaidir, na 'nàdur, bha cead aice gach nì a dheanamh a thogradh i. Bha a rìs, fear-an-tighe fo smàig aice fhein 's aig a màthair ionnus nach fhaodadh e ni air bith a dheanamh ach mar a dh' òrdaicheadh iad dha. Dh' fhéumadh e tòiseachadh air obair anns a' mhadainn an uair a dh' iarraidh iad air, agus cha'n fhaodadh e sgur gus am faigheadh e an cead.

Ann an Ascnis, baile fa 'n comhair, bha gille òg ag cumail na h-oibre air a h aghaidh mar a b' fhearr a b' urrainn da, agus gun aige do chùl-taice ach a mhàthair. An àm Earraich 'us Fogharaidh bhiodh iad ga 'n sàrachadh gu goirt leis nach robh aca ach iad fhein. Bha fhios aig an tuathanach òg gur h-e lìonmhorachd nan làmh a ni aotrom an obair, agus smaoinich e nach b'urrainn da ni a bu fhreagarraiche 'dheanamh na bean fhaotainn. An deaghaidh so a bhi greis a' ruith na 'mhailthean thuirt e, là 'bha sin ri 'mhàthair, agus iad aig am biadh, gu'n robh e am beachd pòsadh. "Ma tà, a mhic," ars ise, "tha sinn gun teagamh air ar cur h-uige glé mhór 's gun againn ach sinn fhein, agus ma gheobh thu té fhreagarrach, tha mise làn toileach; cha mheas thu e cearr dhomh 'fheòraich co a tha na d'bheachd." "Ma tà, thà dìreach nighean fear Bharrabaothain." "Ni Math ga 'r dìon! A mhic gu dé thà thu 'ciallachadh? Nach 'eil 'fhios agad gu'm bheil i air droch ainm fhaotainn am fad 's am fagus?" "Thà gu math, 's ge do thà, cha'n 'eil aon 's an àite a theid air thoiseach oirre ann an searbhantachd." "Tha i sgairteil gu leòir," ars ise, "ach an uair a thig i faodaidh mis' an tigh fhàgail." "Cha'n fhaod idir," os esan, "'s cha smaoinich sibh air; na bithibh fo iomaguim sa bith, bheir sinn deuchainn di co dhiùbh."

Chuir an gille, an sin, a ghnòthuichean an òrdugh, agus an ùine ghoirid rinn e deas gu falbh g'a h-iarraidh. An uair a bha e fàgail an tighe thuirt e ri a mhàthair i chur gach ni ann an òrdugh cho math agus a dh' fhaodadh i, agus gun i ghabhail suim dheth-san ged a gheobhadh e coire dhi an uair a thilleadh e. Thuirt ise gu'n deanadh i sin, agus dh' fhalbh e.

An uair a ràinig e bha fear Bharrabhaothain a mach 's an dail a' treabhadh. An

(Air a leantuinn air taobh 70.)

[TD 68]

[Vol. 6. No. 9. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 27 OGUST, 1897.

Tha duine anns na Stàitean an dràsda ag agairt còir air mor-roinn Nobha Scotia. Tha e toileach a dhearbhadh gu 'm buineadh an dùthaich d'a shinnsirean le còir o rìgh na Frainge, agus tha e 'deanamh a mach gu bheil gach còir a thug rìghrean na Frainge d' an iochdarain seasmach gus an latha 'n diugh, a thaobh nan còrdaidhean a bh' air an deanamh eadar an Fhraing us Breatann nuair a fhuair Breatunn còir air Nobha Scotia. Ach 'se 's dòcha nach fhaigh e greim air Nobha Scotia idir; tha e tuilleadh us fada gun a chòir a chur an céill.

Chaidh dithis nighean oga a bhàthadh ann an acarsaid Halifax Di-màirt s'a chaidh. Bha iad fhein us piuthar dhaibh a mach a snàmh, agus chaidh iad-san a mach far an robh an t-uisge ro-dhomhain. Bha am màthair air tìr 'gan amharc, agus 'nuair a chunnaic i 'n cunnart anns an robh iad, chaidh i a mach, ach cha d'rinn i ach a beatha fhéin a chur an cunnart, gun chuideachadh sam bith a dheanamh leotha-san. Bu nigheanan iad do Ioseph Brown, a tha 'na cheannaiche anns a bhaile.

Chaidh gille òg, aois sheachd bliadhn' deug, Iain Ailein Mac Aoidh, a bhàthadh ann an dama muillne faisg air Dundas, E. P. I., feasgar Di-luain. Bha e-fhéin us triùir ghillean eile a' snàmh, agus dh' fheuch esan ri snàmh o thaobh gu taobh dhe 'n dama; ach chaidh a chasan an sàs ann am fiar-fiadhaich, agus chaidh e fodha. Cha b' urrainn do chàch cuideachadh sam bith a thoirt da; bha bàta air an dama, ach bha na ràimh fo ghlais anns a mhuillinn.

Tha ministear anns an tigh-obrach an <eng>Kingston, Ontario,<gai> air son mort a mhnatha. An la roimhe dh' aidich fear a th' anns a phrìosan an <eng>Indianapolis<gai> gu' m b' esan agus fear no dha

eile a rinn am mort. Bha iad air son an tigh a robaigeadh. Tha mo an de 'n luchd-lagha dhe 'n bharail gu bheil e 'g innse na firinn.

O chionn ghoirid bha gille beag a' cluich air fàradh, air madainn na Sàbaide. Shuidh e air fear dhe na rongais, 's bha e 'g oibreachadh a chasan mar gum biodh e' cuir mu'n cuairt cuidhle. "De tha thu cluich mar sin?" arsa mhathair. "Tha mi cluich gur e 'm fàradh-sa mo bhaisicle," ars' esan. "Nach eil fhios agad nach eil e ceart a bhi suibhal gu diomhainn le baisicle là na Sàbaid?" "O mhamaidh, ach tha mise cluich gur h-Iudhach mi."

Tha e air aithris gu robh dà Eirionnach aon uair a' glanadh a mach tobar domhainn. 'Nuair a bha 'n obair ullamh, thòisich am fear a bha gu h-àrd air tarraing air an ròp a bha togail an fhir eile. Bha 'n ròp a ruith thairis air ulag a bha gu h-ard os-cionn teis meadhoinn an tobair. An deigh dha a charaid a thogail leitheadh slighe, dh'èigh e, "A Phat, cum greim ort fhéin gus an cuir mise smugaid air mo làmhan."

Mamaidh a' ceasnachadh a ghille-bhig mu thimchioll gleadhraich air choireigin:—"Mo ghille maith, shaoil leam gu'n dubhairt thu rinn gur h-e 'n gille beag 'san tigh ud thall a rium a fuaime uile gu leir." "Thuir, a mhamaidh. Thuibhairt mi sin. 'Se rium e cuideachd. Bha mise a gabhail dha le maide!"

Ann an aon eaglais am baile-mor Lunnainn, bha ochd càraidean deuga air am pòsadh air a' cheud Shàbaid dhe 'n mhios so. Tha an latha sin gle mheasail aig càraidean òga air son pòsadh, ach 's fhada 'n ùine o nach deachaidh àireamh cho mor a phòsadh air an aon stòl.

Fhuair sinn airgead ann an litir air an t-seachdain so, agus gun sgrìob sgrìobhaidh innte a dh'innseadh co chuir ugainn e. Chaidh an litir a chur an làmhan a phosta ann an baile <eng>Vancouver, B. C.<gai> Am bi esan a chuir ugainn e cho math 's gu'n innis e dhuinn co e.

Tha an crithneachd air fàs gu math daor air an fhoghar so; tha e nise creic air dolair am buiseal. Ma chumas a' phris cho àrd sin, ni tuathanaich Mhanitoba 's an Iar-Thuath am fortan, oir tha 'm bàrr crithneachd anabarrach trom am bliadhna.

Cha do ghabh na Stàitean a stigh Eileanan <eng>Hawaii<gai> fhathast, ged a bha 'san ainm gu robh sin ri bhi air a dheanamh an ùine ghoirid. 'Se 's coltaiche nise nach eil an t-aonadh gu bhi air a dheanamh idir.

Duine gun each, gun eithear, is fad' a shac air deireadh. Cho fad 's a bhios fiodh 's a choill, bidh car anns a Charranach. Cha'n urrainn an sionnach fhéin a bhi ruith daonnan daonnan. D' fhag Lachunn a chroit. Cha 'd fhag is i a chroit a d' fhag Lachunn.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni
e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prìsean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart
phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig <eng>Exhabition Chanada<gai> da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 69]

[Vol. 6. No. 9. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Leugh ainmean na feadhach a phàigh. Am bheil d' ainm fhéin ann? Am bu choir e bhi ann? Cuin a bhitheas e ann?

Chaidh còrr us ceud sabhal a chur as a chéile 'sa mhilleadh ann an Ontario o chionn da sheachdain air ais. Bha stoirm mhor ann, le tàirneanaich us dealanaich.

Chuireadh ochd fichead us tri mile deug (173,000) tunna guail a mach as na mèinnean a tha fo làimh cuideachd a ghuail, air a mhios a dh' fhalbh. Bha sin na b' fhearr na rinneadh mìos sam bith roimhe.

Chaidh dithis dhaoine bhàthadh ann an acarsaid Halifax oidhche Di-luain air an t-seachdain s'a chaidh. Thuit fear dhiubh a mach á bàta, agus ged a bha àireamh 'ga fhaicinn chaidh a bhàthadh. Bu sheòladair bhar soitheach Suaineach am fear eile.

Thatar a' deanamh moran càise ann an Eilean a' Phrionnsa. Tha aon duine, <eng>T. J. Dillon,<gai> a laimhsich fiach da cheud gu leth mile dolair dheth o thoiseach an t-samhraidh. Bu chòir do thuathanaich Cheap Breatunn a bhi deanamh barrachd caise na tha iad.

Gheibhear anns an àireamh so ainmean na feadhach a phàigh o chionn da sheachdain. Tha "Iadsan a phàigh" a' fàs beagan na 's lionmhoire, ach tha gu leór nach d' rinn an dleasanach fathast. Tha sinn an dòchas nach dean iad an tuilleadh dearmaid air MAC-TALLA.

Tha coi-thional Ghrand River a' cur gairm aon-ghuthach dh' ionnsuidh an Urr. Iain Fhriseil, ministear a' Chladaich a Tuath. Tha Mr. Friseal an deigh gairmean fhaotainn á àireamh choithionalan o chionn dha no tri bhliadhnaichean air ais, ach cha 'n fhac' e fathast an

t-slighe reidh roimhe gus an t-àite anns am bheil e fhàgail.

Fhuair e corp duine air cladhach <eng>Sight Point,<gai> faisg air Mabou la na Sàbaid s'a chaidh. Bha na casan 's na lamhan air falbh dheth, agus an fheoil air cnàmhadh. Cha 'n eil fhios có e, no c'àite 'm buineadh e. Bha pàirt de chuid aodaich uime, ach cha robh ni anns na pòcaidean. Chaidh a thiodhlacadh ann an cladh nan Caitliceach am Mabou.

Chaochail boirionnach d' am b' ainm Lùsaidh Nic Fhionghain ann an Acarsaid Chloinn Fhionghain air an t-seachdain s'a chaidh. 'Se dh' aobharaich a bàs leònadh a fhuair i anns an aodunn le forc fheòir. Bha i-fhéin agus te eile ag obair air mir fheòir, nuair a chaidh an fhorc a bh' aig an te eil 'n sàs 'na h-aodann-se, 'ga leònadh cho dona 's nach robh i beò ach beagan lathaichean.

A sheachdain gu la na Sàbaid s'a chaidh, fhuair e Micheil Mac Leoid, fear-cumail an tigh-sholuis air <eng>Point Prim,<gai> E. P. I., marbh na leabaidh. Bha e cumail an t-soluis o chionn cheithir bliadhna fichead. Bha e coimhead an t-soluis fad na h-oidhche, chuir e as na lampaichean 'sa mhaduinn, agus chaidh e dhachaidh a chaochladh. Bha e tri fichead bliadhna 'sa deich a dh aois. Cha robh duine anns an tigh ach e-fhéin. Cha 'n eil fhios co-dhiu bha gus nach robh e tinn.

Tha Sacramaid na Suipeir ri bhi air a frithealadh aig na <eng>Forks,<gai> la na Sàbaid. Thatar ag obair air eaglais <eng>St. Andrew's,<gai> agus cha bhi i ro fhreagarrach air son na seirbheis a bhi innte; mheasadh iomchuidh mar sin an t-seirbheis a bhi gu h-iomlan aig na <eng>Forks.<gai> Thòisich an t-seirbheis Dior-daoin. Tha an t-Urr. Alasdair Ros á Hogamah a' searmonachadh còmhla ris an Urr. Mr. <eng>Forbes.<gai> La na Sàbaid, agus lathaichean eile ma bhios sluagh mor cruinn, bidh a' Ghàilig air a searmonachadh a muigh.

Tha Somhairle C. Caimbeul, am <eng>Baddeck,<gai> air a chur gu Eilean Phòil a cumail an tigh-sholuis. Bha e 'san obair sin roimhe fad còrr us fichead bliadhna.

Bha triuir mhnathan aig cùirt ann am baile Halifax air an t-seachdain s'a chaidh air son a bhi air an daoraich. Cha mhath an innse sin air ceanna-bhaile na mor-roinn.

Tha am fiar gle mhath an Eilean a' Phrionnsa air an fhoghar so. Tha am bàrr gràin gle mhath air talamh àrd, ach an àiteachan iséal, tha e fad air ais. Tha am buntàta gu bhi gle math. Tha measan de gach seòrsa gu bhi gann.

Ged nach robh sinn 'gam faireachadh an so, bha tàirneanaich us dealanaich ann gle thrì am bliadhna, agus rinneadh call nach bu bheag leotha. Bha taighean agus saibhlean air an losgadh, agus ann an caochladh àiteachan chailleadh beatha dhaoine leotha.

Tha eaglais ùr Chaitliceach ri bhi air a fosgladh air an Eilean Mhor

la na Sàbaid, a cheud eaglais Chaitliceach a dh' fhosgladh air an eilean. Tha an t-Urr. Seumas Quinan, sagart Shidni, ri bhi air ceann na seirbheis, air a chuideachadh le àireamh de shagairt eile.

Bha soitheach-cogaidh leis na Stàitean, am <eng>Marblehead,<gai> anns an acarsaid da latha toiseach na seachdain so. Thainig i stigh feasgar Di-luain, agus dh' fhalbh i Dior-daoin. Bha soitheach Frangach a stigh cuideachd, agus chosg iad roinn mhath de dh' fhùdar a' fàilteachadh a chéile.

Chaidh tigh tuathanaich d' am b' ainm Deòrsa Hudson, ann am Manitoba, a losgadh gu lar oidhche Dior-daoin air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha a bhean agus ceathrar chloinne air an losgadh gu bàs. Bha an tuathanach fhéin air falbh aig an àm, agus cha d' fhuair a much mar a thachair gus 'n do thill e.

A dh' aindeoin gach comhairle thatar a toirt orra, tha àireamh mhòr dhaoine air an t-slighe gu Klondyke. B' fhearr dhaibh fuireach far am bheil iad gu earrach, ach cha dean iad sin, agus 'se 's dòcha gu'm bi an t-aithreachas orra. Tha an geamhradh a nise tòiseachadh anns an dùthaich sin, agus cha 'n e duine cumanta a tha comasach air faighinn innte re na h-aimsir sin.

Iadsan a Phaigh.

Domhnull Mac Cuthais, Seana Bhrigeport.
Aonghas Mac Cuthais, Seana Bhrigeport.
Calum Mac Ille-mhaoil, Drochaid Albert.
Seumas Mac Gilleain, Rathad a' Chléirich.
Bean Mhurchaidh 'Ic Leoid, Inle, Baddeck.
Iain A. Gillios, <eng>S. W. Margaree.<gai>
Coinneach A. Mac Fhearghais, L'Ardoise.
An t-Urr. D. Domhnullach, <eng>Strathlorne.<gai>
Uilleam Domhnullach, Drochaid Mharion.
Ruairidh M. Mac Coinnich, Sidni.
Padruig Mac Ille-mhoire, Sidni.
Ailein D. Mac Eachuinn, Sidni.
A. R. Mac Neacail, Acarsaid Bharrachois.
Raonaid Nic Gilleain, Rathad nam Frangach, 50c
Donnachadh Rothach, <eng>Cornwall, Ont.<gai> \$2.00
Cairistina Nic Aidh, <eng>Ripley, Ont.<gai>
D. Mac Fhearghais, <eng>Penetanguishene, Ont.<gai>
Alasdair Mac Ealair, <eng>Penetanguishene, Ont.<gai>
Iain Mac Fhearghais, <eng>Port Arthur, Ont.<gai>
An t-Urr. Iain Gillios, <eng>Dundas,<gai> E. P. I. \$3.00
<eng>F. A. Gemmel, Selkirk, Man.<gai>
A. R. Domhnullach, <eng>Albany, N. Y.<gai>
<eng>Miss C. L. Smith, Laconia, N. H.<gai>
Iain A. Caimbeul, <eng>Charlestown, Mass.<gai>
Ceit F. Nic Leoid, <eng>Peveril, Que.<gai>
Tormaid Moireastan, <eng>Peveril, Que.<gai>
Iain R. Domhnullach, <eng>Whitwick, Que.<gai>
D. B. Mac Amhlaidh, <eng>Milan, Que.<gai>

Niall Mac Leoid, Dun-Eideann, Alba.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim
.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.30

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte. Sgrìobh gu

<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

CARADH

Uaireadairean
Glanadh,

\$0.50
<eng>Mainspring,<gai>
.60

An da chuid,
1.00

<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.
<eng>Baddeck, C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prìsean ura.

A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 70]

[Vol. 6. No. 9. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 67.)

deaghaidh dhaibh fàilte a chur air a chéile agus beagan conaltraidh a bhi aca, dh' innis an t-òganach ciod a chuir an rathad e. "Ma tà, 'ille," thuirt an seann-duine, "tha thu cur ioghnaidh orm—tha thu 'cur iongantais mhóir orm, tha mi cinnteach nach 'eil a nàdur an aineol ort ach searbhanta a's fhearr cha do chuir dà làimh á gualainn. Ma tha thu fhein am beachd gu 'n dean thu leatha tha mise làn toileach a thoirt dhut." "Fuasglaibh na h-eich, ma ta," thuirt an t-òganach, "agus theid sinn thun an tighe." Cha robh a shoad air an tuathanach na h-eich a leigeadh ma sgaoil agus an deigh tuilleadh ìmpidh, 's ann a fhreagair e, "'Ille, cha'n 'eil a chridhe agam am fuasgladh mu'n àm so a latha; ma theid mi dhachaidh an ceart uair bheir iad an craicionn diom." "Fhalbh, fhalbh, gabhaidh mi fhein ur leisgeul car aon oidhche," thuirt an suirdheach; agus thug iad na h-eich as a' chrann, agus choisich iad le chéile thun an tighe. "Nis," thuirt an seann-duine 's iad a' dlùthachadh ris an tigh, "ma their mise gu'm faigh thu i, faodaidh tu bhi cinnteach nach fhaigh thu i, ach ma their mi nach fhaigh, bi cinnteach gu'm faigh." "Bitheadh e mar sin fhein, ma ta," ars an suirdheach, agus chaidh iad a stigh le chéile.

Chaidh fàilte 's furan a chur air an tuathanach òg, agus biadh a chur a làthair, ach shuidh fear an tighe aig an dorus. "So, so," thuirt bean an tighe, "suidh a nìos, gu dé ni thu 'fuireach aig an dorus." Shuidh e suas agus an uair a bha iad uile cruinn, dh' innis an t-òganach aobhar a thuruis; gu'n robh e toileach dol fo cheangal pòsaidh leis an nighinn, na'm b' e 's gu'm biodh iad aon-sgeulach gu léir mu'n chùis. "Ma tà, 'ille," thuirt a h-athair, "tha mor mheas agam ort, agus tha 'fhios agam gur h-araidh thu oirre, ach tha sinne nis air tarruing ann an aois, agus cha'n urrainn duinn feum a dheanamh as a h-aonais; tha mi duilich nach urrainn duinn a seachnadh." "Cò thuirt nach b' urrainn duinn a seachnadh?" ars a màthair, "tha mise ag radh gur h-urainn duinn a seachnadh, agus seachnadh sinn ì; cha till an gille dhachaidh as a h-aonais ma tha i fhein toileach." "Thà," ars an nighean, "'s cha'n eagal nach seaahainn sibh mi." Mar is mò a dhiùltadh a h-athair, is ann is mò a rachadh a màthair an rathad eile: an dà bhoirionnach gu dearbh a' seasamh an aghaidh fhir-an-tighe "mar chlacha dubha an aghaidh sruth," gus mu dheireadh an do strìochd esan cuideachd. Cha b'fhada gus an deachaidh am pòsadh; agus an deaghaidh beagan làithean a chur seachad ann am Barrabaathan, dh' fhalbh iad dhachaidh. Cha robh iad fad aig an tigh an uair a thuirt an duin'-òg gu'n rachadh iad a dh'fhaicinn ciamar a bha gnothuichean ag amharc mu'n aitreabh. Thug e an toiseach am bàthaiche air-a' bhean-òg agus a màthair na chuideachd. "An dean sin feum, a mhic?" ars a màthair, ach thòisich

esan air faotainn coire do gach nì-bha so cearr 's cha robh sud ceart; thug e breab do ghogan a thachair air agus thilg e gu taobh eile an tighe e. "Ma tà," ars a bhean-òg, "ar leam fhein gur h-ann a tha do mhàthair ri 'moladh air son do ghnothuichean a bhi ann an òrdugh cho math." "Ni e feum an dràst," ars esan, "ach dh'fhaodadh e 'bhi na b'fhearr." An deaghaidh so chaidh iad do 'n stàbull, agus ma bha am bàthaiche dona, bha na seachd donais air an stàbull. "An dean sin feum, a mhic?" ars a mhàthair. "Cha dean, a bhean," ars esan agus tòisich air coire fhaotainn do 'n nì so 's do 'n nì ud eile. "Ma tà," thuirt a' bhean-òg 'us i 'toirt fiar-shùil' air a fear, "ar leam fhein gu 'm bheil gach ni ann an òrdugh ro-mhath." "Ni e feum an dràst, ach dh'fhaodadh e 'bhi na b'fhearr," ars esan.

Là no dhà an deigh so chaidh a' chàraid a mach a bhrodadh, agus mar a dh' oibrich e esan, neotharthaing mur gleidheadh ise suas a taobh fhein de'n imire. Air dhaibh a bhi 'dol ris gu math dian thuirt esan mu dheireadh, "Gabhaidh sinn anail a nis." "Cha'n 'eil mi sgìth idir fhathast," ars ise. "Cò dhiùbh a tha no nach 'eil, gabhaidh sinn anail," ars esan. "Ud cha'n eagal duinn car tacain eile," ars ise. "Tha mise ag radh riut suidhe," ars esan, agus le so shuidh i. An uair a bha iad ùine bheag na 'n suidhe, "Eiridh sinn a nis," ars esan, agus an greim bha iad le chéile rithist, agus chaidh an latha sin thairis mar sin.

An uair a fhuair iad obair an Earraich seachad thuirt esan rithe gu'n rachadh iad a dh-fhaicinn a muinntir a nis. Dh'fhalbh iad; agus an uair a ràinig iad chaidh fàilte chridheil a chur orra le chéile. Chuir esan an latha thairis thall 's a bhos le 'athair-céile, 's bha ise a stigh le 'màthair. An uair a thàinig am feasgar thill na fir dh' ionnsuidh an tighe, agus thuirt esan gu'n robh an t-àm dhaibh a bhi 'dol dachaidh. "Cha'n fhalbh i leat an diugh," thuirt a mhàthair-chéile, "Nach fhalbh? Nach 'eil thu falbh leamsa dhachaidh," ars esan 's e' tionndadh ris a mhnaoi-òig. Cha d' thuirt ise diog. "Cha'n fhalbh i leat an diugh no 'màireach," ars a mhàthair-chéile a ris, "an déigh an droch-càraimh a thug thu dhi, cha till i leat tuille. Gu dearbh bha thu caoimheil rithe a' dol an aghaidh gach ni 'theireadh i, agus ag cur a h-uile nì 'bha ceart, cearr. Faodaidh tu a bhi 'falbh ach cha'n fhalbh ise leat." "Am bheil thu 'fhalbh leamsa dhachaidh?" thuirt esan a rìs. Cha do fhreagair smid. "Mur coisich thu leamsa dhachaidh ruithidh tu leat fhein ann," ars esan 's e dol a mach thun an doruis far an robh curag mhath sgoib, as an do thagh e aon cho dìreach réith 's a chunnaic e. An so thill e stigh 's ghabh e air a mhnaoi fhein leatha gu sgaiteach, dian, gus an d' thug i an dorus oirre. Thionndaidh e an so agus thug e an t-ath lunnraigeach d' a mhàthair-chéile, agus an sin dh'fhalbh e dhachaidh.

Bha fear Bharrabhaothain na 'shuidh aig an dorus mara b' àbhaist. "Suidh a nìs, suidh a nìs," thuirt a bhean, an uair a dh' fhalbh an cliamhuinne. 'S e Ni Math a dh' òrduich nach e sud seòrsa fir a th' agam, suidh a nìs, cha robh riamh agam ort am meas a bu chùir."

Chaidh an duin'-òg dhachaidh, agus fhuair e a bhean air thoiseach air trang ag obair, agus an deaghaidh sin rinn an dà bhoirionnach

sin-a' mhàthair agus a h-ighean, mnathan nach robh na b'fhearr ri fhaotainn anns an sgìreachd gu léir.

MAC-OIDHCHE.

Naidheachd.

Bha ann an <eng>Normandy, <gai> 's an Fhraing, cosnaiche bha air ur phosadh, duine calma sgairteil, agus bha e fein 's a bhean, mar bu choir dhoibh a bhi, anabharrach caidreach. Thachair dhasan a bhi 'g obair ri latha uisge 's gaillinn o mhoch gu anmoch, agus thainig e dhachaidh air a chlàidreadh gu goirt le h-obair a's droch-shid. Bha 'bhean 'n a suidhe aig an teine. "An d' thainig thu 'ghaoil?" ars ise, "nach e sin an latha! tha e air a bhi cho fliuch 's nach b' urrainn mise dol a dh'iarraidh uisge, agus leis a sin cha d' fhuair mi do dhinneir a dheasachadh;. ach o'n tha thusa nis co fliuch 's is urrainn duit a bhi, bhithinn a'd' chomain n'an rachadh tu 'dh'iarraidh cuinneag uisge." Thog e 'n da chuinneig, agus thug e'n tobar air; bha 'n tobar greis air astar, ach cha b'fhada gus an do thill e; chuir e aon do na cuinneagan air an ùrlar, agus thilg e na bha 's a' chuinneig eile air mullach cinn a mhnatha, agus a' chuinneag eile air an doigh cheudna. "Sin, a ghraidh," ars esan, "tha thusa nis co fliuch 's is urrainn duit a bhi, agus tha mi 'n dochas nach misd' thu dol a dh'iarraidh an uisge."

Tha deagh fhios againn nach 'eil a' h-aon do na mnathan Gaidhealach a dheanadh a' leithid; ach mar thuirt am Frangach, tha sinn "an dochas" nach misd' iad an sgeul beag so a chluinntinn. Bha 'm Frangach bochd 'n a dhuine spurtail, tuigseach; cha b' ionann agus ioma trusdar a bheireadh gleadh an taobh an leth-chinn di-Cuairtear nan Gleann.

Sean-Fhacail.

Cho bochd ris an ròcas.
Chaidh a chuis 'n a tàois.
Cho dubh ris an oichdhe.
Cul an leighis ris an leigh.
Cho luath ris na gatha-dubha.
Cho grad ri feodhrag chéitein.
Facal a beul, is eun air sgiath.
Cho tioram ris an t-sreathainn.
Cho stallacach ri damh 's a cheo.
Cha sheas cairdeas air leth-chois.
Cho bodhar ris a chloich mhuilinn.
Cha toir beannachadh nach fhaigh air ais.
Cha reic e a dhal-bhuntata air a tarsuinn.
Coin a Bharrachalltuin is clann Iochdrachann.

[TD 71]

Aiseirigh Chrìosd.

B'ì sin staid àrd luchd-riaghlaidh nan Iudhach, agus dheisciobul Chrìosd, agus is ann mar sin a bha gach nì ann an Ierusalem am feadh 's a bha Ceannard an slàinte 'na luidhe ann an sàmhchair na h-uaighe. 'S an àm sin cha b' iad na saighdearan Romhanach amhàin a bha 'nam freiceadan air an uaigh; bha feachd nèimh fo ghluasad; dh'èideadh armailte nam fhlaithes a dh'ion a chuirp naomha. Bha gach uidheamachadh a nis air a dheanamh san dà shaoghal, agus gach nì deas air son an àm san robh gàirdein an Tighearna ri bhì air 'fhoillseachadh. Dà uair chaidh a' ghrian fodha air an t-saoghal, agus bha gach nì fathast sàmhach aig an uaigh. Bhuadhaich am bàs air Mac Dhé. Gu ciùin, tosdach chaidh an ùine seachad. Bha na saighdearan gu furachair a' faireadh; dheàlraich gathan na gealaiche mu mheadhon oidhche air an clogaidibh-cinn agus air an airm-chatha. Rinn naimhdean Chrìosd uaill; bha gach nì mar a b' àill leo; thuit cridheachan a chairdean fo dhìobhail misnich agus fo bhròn; bha spiorada na glòire a' feitheamh gu h-iomaguineach, a' toirt fairear do na bha tachairt, agus a smuainteachadh le mòr-iongantas air doimhneachd dòighibh an Tighearna. Faidheòidh, dh'èirich reult na maidne san àird-an-ear, a' toirt sanuis do'n t-saoghal gu'n robh 'n solus a' dlùthachadh; bha faire an treas là a' bristeadh, 'nuair gu h-obann a chriothnaich an talamh, eadhon gu mheadhon; agus bha cumhachda nan nèamh air an gluasad; thàinig aingeal Dé a nuas; chlisg na saighdearan air an ais roimhe le uamhas; agus thuit iad sìos gu làr; "Bha 'ghnùis mar an dealanach, agus 'éideadh geal mar an sneachda;" charaich e air falbh an leachd o bheul na h-uaighe, agus shuidh e oirre. Ach cò esan a tha mar so a' teachd a nìos o'n uaigh, le 'thrusgan daithte o leabaidh a'bhàis? Esan a ta glòrmhor 'na choslas, ag imeachd ann am mòrachd a neirt? 'Se do cheannard féin, O Shìoin, a ta ann! A Chrìosduidh, 'se do Thriath féin a th' ann! "Shaltair e an t-amar-fiona 'na aonar; tha 'chulaidh daithte le fuil;" ach a nis, mar cheud-ghin á leaba na h-uaighe, tha e cur fàilte air maduinn 'aiseirigh féin. Tha e 'g éirigh 'na ghaisgeach buadhar o'n uaigh; tha e tilleadh air ais le beannachdaibh o shaoghal nan spiorad; tha e 'toirt saorsa do chloinn nan daoine. Cha d' thug éirigh na gréine riamh là co glòrmhor a steach-b'e so là ait-shaorsaidh an domhain mhòir. Sheinn reulta na maidne le chéile; 's rinn uile mhic Dhé iolach ghàirdeachais. Dh'amhairc Athair na tròcair a nuas o 'chathair-rìoghail; le mòr-thlachd chunnaic e a shaoghal féin air a thèarnadh; chunnaic e gu'n robh 'obair uile math. An sin rinn am fàsach gàirdeachas; bha aiteas air a' chruthachadh gu léir 'na làthair, 'nuair a theirinn beannachdan an Tì a's àirde mar dhrùchd nèimh, a dh' ath-bheothachadh nam fineachan.—Leabhar nau Cnoc.

A' Faire gu Caomh air mo Cheann.

EADAR-THEANGAICHT O'N BHEURLA LE GILLEASBUIG MACFAIDEIN.

'N uair bhios cagarsaich dhìomhair a' snàmh air gach taobh,

Agus guthan nach fhaod bhi 'n an tosd,
O'n tìr so 'g am ghairm air sligh' uile chlann-daoìn',
Thair a' chuain th' aig gach aon ri dhol trasd;
Le ùr-fhradharc 'n uair chì mi tigh-comhnuidh nan naomh,
Taobh thall gach saoth'r 'us trioblaid a th' ann,
Aig geata sgiamhach na cùirt' am bi ann a h-aon
'Bhios a' faire gu caomh air mo cheann?

Tha sluagh beag ann 's an còmhnuidh an sùil air mo chéum,
'S a tha 'm feum air fear-dìon agus iùil,
Tha maoth-thruaghain air faontraigh ag amharc am dhéigh,
'S nach bu deacair an deur chur o'n sùil;
Ach a chlann faodaidh Iosa a ghairm leis gu caoin,
'N uair is àird' bhios an doilghios no 'm fonn;
Aig geata sgiamhach na cùirt', dhiubh sin am bi aon
'Bhios a' faire gu caomh air mo cheann?

Tha aonaraich aosd' ann tha feitheamh nan tràth,
Air na làraichean dh' fhag an luchd-dàimh,
'S dh' fhaodadh blàth-fhacal aig àm, no idir gnìomh gràidh
Gean agus àgh a rithist thoirt daibh;
Ach an gart tha làn abuich tha'm buanaich ri thaobh,
'S tha là claidhean an t-saothraich aig ceann,
Aig geata sgiamhach na cùirt', dhiubh sin am bi h-aon
'Bhios a' faire gu caomh air mo cheann?

Tha caomh chàirdean ann dh' fhaodteadh le m' ghradh thoirt gu
smuain,
Tha fìor-thruaghain ann 'g imeachd na sràid',
Tha ann coigrich gun ni agus aimbeartach thruagh,
Agus deoraidh fo smuairdean a ghnàth;
'Measg nam mìltean ni còmhnuidh an Teampull nan naomh,
'S ioma h-aon nach do shaoileadh bhios ann;
Aig geata sgiamhach na cùirt', dhiubh sin am bi h-aon
'Bhios a' faire gu caomh air mo cheann?

Faodaidh Criosda 'n a mhòr-ghràs mi do nèamh a thoirt suas
Oir 's e truaghain a shaoradh a mhiann,
Ged nach gabh mi de 'n bhoichd no de 'n dilleachdan truas,
'S nach bi smuain orr' am ùrnuigh ri Dia;
Ach air nèamh nach toir m' fhéinealachd bròn air mo smaoin,
Mur h-e bròn ni nach fhaod a bhi ann,
Aig geata sgiamhach na cùirt', dhiubh sin mur bi aon
'Bhios a' faire gu caomh air mo cheann?

Coltach ri càis' Uibhist-laidir ruighinn, cruaidh.
Dean caora dhiot fhein, is ithidh na madaidh thu.
Co 'sam bith a 's coiriche, is mis' an creunnaiche.
Cha robh Inid riamh gun fhàs no a Chaisg gun Earradhubh.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.

Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 72]

[Vol. 6. No. 9. p. 8]

Oran Gaoil.

Is tric mi gach la a cuimhneach' do ghraidh,
Car tamuile mar bhà do spéis dhomh,
Gabh misneach 's an uair 's ann ort 'bhios mo luaidh,

A chaoidh gus an gluais an t-eug mì.
Caol mhala gun ghruaim, cha'n fhaigheadh tu'm fhuath,
Do mhulad 's do thruaighe 'léir mi,
Do phearsa dheas ùr cha chuirinn air chùl,
Ged thairgeadh mac diuc' e féin dhomh.

Cas 'dhireadh nan stùc' ghunna le d' nach diult,
'S le d' mhial-chonaibh lùthmhor, eutrom;
Bhiodh ùdlaich' nan croc na laidhe fo leon,
'S bhiodh pudhar air eoin an t-sléibhe.
Bhiodh coileach o'n bheinn air sgéith ann ad laimh
Mu 'm biodh air fear eil' a léine,
'S tu thaghainn dhomh fhìn, a shealgair na frith,
'S cha 'n fhaicinn thu 'chaoidh na t' eiginn.

Cùl buidh' ort mar òr, blas meal' air do phòig,
Cha'n iarrainn bhith beo as t'eugmhais;
'S tu ceist nan ban ùr, nach caidleadh 'san smùr
'Sa mhaduinn ghil, chiuin, 'n am éirigh.
Is gorm do dha shùil, is taitneach do ghnùis,
'S gur tlachdmhor air thus fir threun' thu,
Le d' bhreacan deas ùr, 's e paisgte mu d' chùl;
Cha 'n fhaca mo shuil riamh t' eugas.

'S tu m' eudail de 'n t-sluagh, 's ann ort tha mo luaidh,
Cha 'n fhaigheadh tu fuath gu brath bhuam;
Cha laigheadh orm aois nam faighinn mo ghaol
Gach latha ri m' thaobh mar b' àill leam,
'S tu m' ulaidh 's mo mhiann, m' aighear 's mo chiall;
Beul meachair o 'm fiathail gàire,
Cha 'n eil e fo 'n ghréin na thaghainn dhomh féin,
Nam b'e 's gu 'n do thréig thu ghràidh mi.

Tha cuid ag ràdh gu 'n do rinneadh na rannan so do dh' Uilleam Ros,
le fear no te air choireigin an ainm Mhòir Rois, a leannan. Tha cuid
eile ag ràdh gu 'n do rinneadh iad le nighinn fear Thir-na-Drise do
mhac fear Dhail-an-easa. Ge b'e co dha 'n do rinneadh iad cha 'n eil
iad ro fhreagarrach do dh' Uilleam Ros, no idir am beul Mòir Rois.

GLEANN-A-BHAIRD.

Gu ma Slan do 'n Oigfhear.

LE NIALL MAC LEOID.

AIR FONN,—“Bha mi 'n de 'm Beinn-Dorain.”

Gu ma slàn do 'n òigfhear
A sheòl an raoir bho 'n chala so;
Gu 'n robh gach dùil 'g a threòrach'
'S 'ga chòmhnadh mar 'bu mhath leam e;
Cha chreidinn riamh bho chàch e
Gu 'm faca mi 's a' bhàt' e,

Gu 'm fàgadh e gu bràth mi,
'S nach robh ach bàs a sgaradh sinn.

'N uair 'dh' fhàg e air an tràigh mi
Bha m' inntinn làn 's cha 'n annasach;
An aon fhear 'thug mi gràdh dha,
'S a thug a làmh 's a ghealladh dhomh,
Air seòladh do na h-Innsean,
'S gun fhios gu bràth an till e;
'S bidh mise 'n so fodh mhì-ghean,
Ag cuimhneachadh a charthannais.

Marbh-phaisg air an t-saoghal,
Gur caochlaideach an sealladh e!
Cho làn a dh' fhoill 's a dh' fhaoineis
A bheir a thaobh a dh' aindeoin sinn;
Ma leagas sinn ar n-inntinn
Air cuspair gaoil no dìleas,
Faodaidh sinn 'bhi cinnteach
Nach bi iad leinn ro mhaireannach.

Sin mar 'dh' éirich dhòmh-sa,
'S cha leigheis deoir mo ghalair dhomh,
'S mi 'n diugh ag caoidh an òigfhir
'Bu bhòidhche 'bh' anns an fhearann so;
Na 'm faighinn fhéin mo dhùrachd,
Ged bhiodh mo chairdean diùmbach,
Gu 'm b'e mo mhiann 'bhi dlùth dha,
Ge b' ann fodh smùid nam marannan.

Gu ma h-olc do 'n bhàillidh
A rinn mo ghràdh a sgaradh uam,
'S a dh' fhuadaich thar an t-sàil e
Gu ànrath agus allaban!
'N uair chi mi thall an fhàrdach
'S an deachaidh Ruaraidh àrach,
'S i 'n diugh gun cheòl, gun mhànràn,
Do 'm b' àbhaist a bhi caithreamach.

'N uair 'chruinnicheas an còmhlàn
Di-dòmhnuch 's ann 'bhios smalan orm,
'S a chi mi chathair bhrònach
A bhios an còmhnuidh falamh dhomh,
Cha 'n fhaic mi 'measg mo chàirdean
A ghnuis 'bu chiùine deàrrsadh,
'S an t-sùil a bha cho blàth dhomh,
'S cha toireadh càch an aire dhuinn.

'N uair 'theid mi 'mach do 'n fhàsach
A dh' fhaicinn blàth nan gleannanan,
'S a chì mi far am b' àbhaist
Dhomh mànràn le mo leannan ann,
Cha 'n fhaic mi ròs no neòinean,
'S cha chluinn mi cuach no smeòrach

Nach cuir na m' chuimhn' an còmhradh
'Bhiodh againn òg 'us amaideach.

Ach gheall e dhomh 'bhi dìleas,
'S nach dìobradh e r'a mhaireann mi,
'S ma thèid a chliù r'a shìnnis
Cha chuir e lìn a mheallas mi.
Ach ma 's e 's nach till e,
Bidh mise truagh a chaoidh dheth,
'S bidh 'ìomhaigh beò na m' inntinn
Gu 'n sìnear anns an anart mi.

Laoidh.

'S beannaicht' an ceangal gràidh nach leig
Dhuinn dealachadh o chéil;
Ach ged is éiginn sgaradh 'n tràths',
Mealaidh sinn càirdeas Dhé.

Cha dealaich sinn gu bràth 'n ar crìdh',
Oir 's aon sinn ann an Crìosd;
Le teas-ghràdh dèanamaid a thoil,
Gu là a theachd a rìs.

O b' fheàrr gun stiùradh e ar céum
Na shlighe fhéin 's gach cas,
Gun mhiann air ni sam bith fo 'n ghréin,
Ach Crìosd is mèud a ghràis

O gluaiseamaid na 's dluith' do Dhia,
Is gheabh sinn sòlas uaith—
Gach gràs tha feumail duinn a bhos;
'S an t-iomlan gheabh sinn shuas.

AN DA LEIGHEAS

AGUS <eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION—CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.—agus—<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

[TD 73]

[Vol. 6. No. 10. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 3 SEPTEMBER 1897, No. 10.

Cumha Rao.

Chaidh an t-oran so a dheanamh le bean bhochd ann an aon de na h-eileanaibh fiadhaich anns am bheil daoine ag itheadh feoil a cheile le mhor bhlas. A reir a' chunntais a chaidh a thoirt, bha Rao agus a fear-posda ro chaomh mu cheile gu aon latha mi-shealbhar a dh'iarr i air am falt a bharradh d' a ceann. An uair a chunnaic e an craiceann cho geal, bhriagh thuirt e gu'm feumadh e a ceann fhaotainn ri itheadh gun dail, agus thoisich e ri teasachadh na h-

àmhunn, agus ri sgaoileadh dhuilleagan na craoibh pailm air a h-
urlar. Thoisich Rao air deanamh a' chumha so dhi fein; bha fios aice
nach robh dol as ann di; agus bha a piuthar-cheile a' gul ri 'taobh,
oir bha an tinneas partanach <eng>(cancer)<gai> oirre, 's bha Rao ro
ghrinn rithe. An uair a bha an àmhunn teth, mharbh a' bhrùid an-
iochdmhor a bhean bhoichd, agus ròsd e a ceann, a riarachadh anamiann
graineil. Chuir e an corr d' a feoil am falach fo chraoibh. An uair
a bha e an sin leis thainig da bhrathair Rao 'g a faicinn; dh'innis
a piuthar-cheile an sgeul boichd dhoibh, agus chaidh iad air tòir na
beiste. Bha e a' cur falach craoileig lan de fheoil a' bhoireannaich
bhoichd; leum iad air gu grad, agus mharbh iad e, agus ròsd iad a
cheann-san anns a' cheart àmhunn 's an d' uallaich esan ceann Rao.
Is fheudar dhomh ainmeachadh gur ann 's na h-eileanaibh a tha 's a'
Mhuir Phacific a thachair so, gun fhios nach abair am fear-
eachdraidh a thig an deigh an fhir a mhuinntir <eng>New Zealand<gai>
air an robh Macaulaidh a' sgrìobhadh, gur ann aig bun Beinn Nibheis
a chaidh Rao itheadh, 's gur ann an Gaidhlig a rinn i an cumha
bronach, boichd so, ma thachras seann aireamh d' an phaipear air anns
am faic e

CUMHA RAO AIR A SON FEIN.

Mo thruaigh, cia minic a bha againn comhradh diomhair!
Guil, guilibh air mo shon!
Slan leibh, tha sin a' dealachadh gu siorruidh,
O guilibh air mo shon!
'S tric bha againn comhradh diomhair leinn fein-
O nach gabh thu truas diom?
Tha mo thim air fas gearr,
'S dluth an oidhche bhuan domh-,
O guilibh air mo shon,
'S sinn a' dealachadh gu siorruidh!
Guil, guilibh air me shon!
Ho rinn an o-ho ro io ro!

O guilibh air mo shon,
'S mo ghrian 'dol sios air cul nam beanntan,
O nach gabh thu truas diom?
'S mi 'faicinn ann an sud an amhunn,
A's esan a' gearradh a' chonnaidh
A ròsdadh mo chuirp bhoichd gu biadh dha.
O guilibh air mo shon.
A 's sinn a' dealachadh gu siorruidh!

O guilibh air mo shon!
Bu shona sinn aon uair comhla
Ann an conaltradh grinn a' ghraidh,
'S sinn gun dealachadh, gun dòlas,-
Mise, run m' athar <eng>Rongovi;<gai>
A's thusa, chliamhainn chiatach,
Tri miosan na gorta mire,
Bha 'g a cuidheachadh gu gnìomhach.
O guilibh air mo shon,

A 's sinn a' dealachadh gu siorruidh!

O guilibh air mo shon,
A's mi mar iasg air a tharruing
A doimhne na fairge oillteil,
'G a thionndadh thairis a's thairis
Air griosach na h-amhuinn teinntich
Mo cheile, tha thusa cho sgiamhach
Ri eideadh de chraobh a' mheas-arain,
'N uair a ghealaichteadh ri grian e.
O guilibh air mo shon,
A's sinn a' dealachadh gu siorruidh!

O guilibh air mo shon,
Gabh thusa truas diom, O mo cheile;
Tionndaidh o d' smuaintean an iochdmhor
'S paisg a ris ri d' bhroilleach fein mi,
Guil, guilibh air mo shon!
Ho rinn an o-ho ro eile.

Tha an t-oran agam sgriobhte mar an ceudna anns a' chànain anns an deachaidh a dheanamh, ach o nach leugh moran e cha chuir mi gu 'r n-ionnsaidh e.

Mar a fhuair Domhnull Bean.

Bha Gilleasbuig Aotrom, a bha anns an t-seann dùthaich, mar a tha fhios aig moran de luchd-leughaidh MHIC-TALLA, 'na dhuine air leth deas-bhriathrach, agus gle thric cha b'e chuid a b'fhearr de'n chainnt a bhiodh aige. Air eagal a dhiumb a chosnadh, bha gach neach air son an taobh a b'fhearr dheth a chumail. Bha coimhearsnach aig uair a ghabh mor mheas air caileig òig, bhòidhich a bha còmhnuidh dlùth do'n àite 'san robh e a' fuireach. Am measg gach còmhradh eile a bh'eatorra, bhruidhinn e rithe air son i 'ga phòsadh, ach cha ghabhadh i e, -oir mar a bha iomadh té roimpe agus 'na deigh, bha duil aice ri fear a b'fhearr. Co-dhiubh gheibheadh gus nach fhaigheadh i sin mar a bha i, thachair mi-fhortan dhi a lughdaich a miadh gu mor. B'e sin gu'n do bhuail gobhar a h-adharc oirre anns an t-sùil, 'ga leòn cho dona 's gun do challl i gu buileach i. Bha fios aig Gilleasbuig còir air gach cùis dhe so. Ma bha gus nach robh aon eile 'ga h-iarraidh re àireamh de bhliadhnaichean, cha do phòs i. Ged a bha i air leth shùil bhiodh Domhnull riarachta leis na bh'ann dh'i, agus 's e bh'ann gu'n do chuir e e-fhein 'na tairgse a rithist, agus bha ise làn-thoileach a ghabhail air an turus so.

Rinn iad banais mhor, aighearach, agus fhuair Gilleasbuig Aotrom cuireadh; agus tha mi a' creidsinn gu robh fhios aige gle mhath gu'm b'e a shith a bha dhith orra agus nach b'e a chuideachd. Bha fear-na-bainnse a' riarachadh drama uisge-bheatha, agus a' tighinn gu Gilleasbuig, thuirt e ris, "So, òl deoch-slàinte bean agus fear na bainnse." Rug Gilleasbuig air a' ghloine, agus ag éiridh 'na sheasamh, thuirt e, "Tha mi 'g òl so air slàinte na gaibhre a choisinn a' bhean mhath dhuit-sa agus a' bhanais mhath dhomh fhin."

V.

Am Britheamh 's na Ministeirean.

Tha e air innse gu'n d'thug breitheamh Gàidhealach an car gu dona aon uair a àireamh mhinisteirean. Bha iad air an t-slighe gu Dun-eideann, na ministeirean a' dol dh' ionnsaidh an ard-Sheanaidh. Air an rathad chual' am breitheamh facal no dha a dh' innis dha nach b'i bharaile a b'fhearr a bh'aig cuid de na ministearan air, ach cha do ghabh e dad ais. Aig àit àraidh stad an carbad-iarruinn gus cothrom a thoirt do'n luchd-siubhail air biadh a ghabhail. Shuidh a' chuideachd sìos aig bòrd, agus o'n a be 'm breitheamh an duine bu shine 'n am measg, thugadh modh na h-aoise dha le chur a dheanamh an altachaidh. Dh'éirich am breitheamh 'na sheasamh, thoisich e air an altachadh ann an Gàilig, agus cha do sguir e gus an robh clag a charbaid-iaruinn ag innse gu feumadh iadsan a bha air son an turus a ghabhail a bhi dol air bòrd. Faodar mathanas a thoirt do na ministearan ma bha iad a chuid eile dhe'n t-slighe car gruamach ris a bhreitheamh a rinn an t-altachadh cho fada dhaibh 's nach robh ùine aca air blasad air greim dinnearsach.

Thainig <eng>Sir Wilfred Laurier,<gai> Prìomhair Chanada, air ais á Breatunn deireadh na seachdain s'a chaidh. Chuireadh failte gle chridheil air ann an Cuibeic 's ann Montreal leis an t-sluagh air fad. Fhuair e urram mor o luchd-riaghlaidh agus o urrachan-mora Bhreatunn fhad 'sa bha e thall, agus bha a luchd-dùthcha air san urram a chur ais mar an ceudna.

[TD 74]

[Vol. 6. No. 10. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. XII.

An ceann latha no dha thainig soirbheas cho fabharach 's a dh' iarradh iad, agus mhair e fad nan seachd seachdainean a bha 'n long air a turus a dh' ionnsuidh a' bhaile-puirt anns an robh aca ris an luchd a chur am mach.

An uair a rainig sinn an acarsaid 's a leigeadh am mach an t-acaire, thainig moran de bhataichean lan sluaigh thun na cliathaich a chur failte 's furainn air an cairdean, agus a nochdadh an aoibhneis a bh' orra a chionn gu'n do thill iad dhachaidh gu sabhailte as an duthaich fad air falbh anns an robh iad air chuairt.

Ach 'nam measg so bha oifigich o'n rìgh a thainig 'na ainm a chur

failte air na marsantan a bh' air bord. An uair a thainig na marsantan 'nan lathair, labhair fear de na oifigich riutha:—"Tha ordugh againne o'n righ a radh ribh gu'm bheil e anabarrach toilichte gu'n do thill sibh dhachaidh gu sabhailte, agus tha e 'guidhe oirbh gu'm bi sibh cho math 's gu'n sgriobh gach fear dhibh beagan fhacal anns an leabhar so. Agus a chum gu'n tuig sibh c'ar son a tha 'n righ ag iarraidh oirbh so a dheanamh, feumaidh mi innseadh dhuibh, gu'n robh ard-chomhairleach na rioghachd 'na dhuine a bha araon ro ghlic, agus mar an ceudna 'na sgriobhaiche a bha gun choimeas anns an rioghachd gu leir. Dh' eug e o chionn ghoirid, agus tha 'n righ 'g a chaoidh gu mor agus leis an tlachd a th' aige dhe 'n sgriobhadh mhath a bha e 'dheanamh, bhoidich e nach deanadh e fear sam bith 'na ard-chomhairleach ach fear a sgriobhadh a cheart cho math ris. Ged a fhuaradh lamh-sgriobhadh mhorain anns an rioghachd, gidheadh cha d' fhuaradh fhathast aon duine a dheanadh sgriobhadh cho math ris an ard-chomhairleach nach maireann."

Sgriobh na marsantan a bha 'smaointean gu'm b' aithne dhaibh sgriobhadh math a dheanamh, beagan anns an leabhar. An uair a bha iad uile deas, chaidh mise far an robh an t-oifigeach, agus rug mi air an leabhar as a laimh. Ach ghlaodh an sluagh uile, gu h-araid na marsantan, ag radh, "Stracaidh e an leabhar, no tilgidh e anns a' chuan e." Ach an uair a chunnaic iad cho ordail 's a rug mi air an leabhar agus air a' pheann, agus mar a bha mi 'feuchainn ri nochdadh gu'n rachadh agam air sgriobhadh a dheanamh, dh' fhan iad samhach agus ghabh iad ioghnadh mor. An deigh so gu leir o nach fhaca iad moncaidh riamh a dheanadh sgriobhadh, agus o nach b' urrainn daibh a thuigsinn gu'n robh e 'n comas dhomsa a bhith ni bu ghlice na moncaidhean eile, thug iad ionnsuidh air an leabhar a thoirt as mo laimh. Ach cha leigeadh an sgiobair leotha. "Leigibh leis sgriobhadh," ars an sgiobair. "Mur teid aige air sgriobhadh ceart a dheanamh, gabhaidh mise air anns a' mhionaid. Ach ma ni e sgriobhadh math-agus tha amhrus laidir agam gu'n dean, oir cha 'n fhaca mi moncaidh riamh a leith cho tapaidh agus cho tuigseach ris-tha mi ag radh ribh gu 'n gabh mi ris mar gu'm b'e mo mhac fhein e. Bha mac agam nach robh a leith cho turail 's cho tuigseach ris."

An uair a chunnaic mi nach robh neach sam bith a' cur 'nam aghaidh, rug mi air a' pheann, agus sgriobh mi na sia seorsachan a nh-sgriobhaidh a bha cleachdte am measg nan Arabianach, agus anns gach lamh-sgriobhaidh dhiubh so bha ceathramh orain a rinn mi anns an t-seasamh bonn a' moladh an righ. Cha b' e mhain gu'n robh mo sgriobhadh moran ni b' fhearr na sgriobhadh nam marsantan, ach faodaidh mi a radh nach fhaca iad sgriobhadh riamh cho briagha ris. An uair a bha mi deas, thug na h-oifigich an leabhar leotha 'dh' ionnsuidh an righ.

An uair a sheall an righ air na sgriobhaidhean a bh' anns an leabhar, cha do ghabh e suim sam bith de na sgriobh na marsantan. Ach thaitinn mo sgriobhadh-sa ris anabarrach math. Thionndaidh e ri fear de na h-oifigich a bha 'n lathair, agus thuirt e ris, "Thoir leat an t-each a's fhearr a th' agam anns an stabull, agus cuir air an acfhuinn a's briagha a th' agam, agus thoir leat an deise aodaich a's riomhaiche a th' agam, agus cuir mu'n duine sin i, a sgriobh na

sia seorsachan lamh-sgriobhaidh, agus thoir leat an so e.”

An uair a chuala na h-oifigich so cha b' urrainn iad gun ghaire a dheanamh.

Ghabh an rìgh fearg riutha a chionn gaire a dheanamh, agus bha e 'dol 'g an smachdachadh. Ach thuirt iad ris, “Le 'r cead, a rìgh, tha sinn gu h-umhail ag iarraidh mathanais oirbh; cha b' e duine a rinn an sgriobhadh idir, ach moncaidh.”

“Ciod e tha sibh ag radh?” ars an rìgh; “an e nach ann le lamh duine a rinneadh an sgriobhadh briagha so?”

“Cha 'n ann gu dearbh,” arsa na h-oifigich “cho fìor 's a tha sinn beo, rinn moncaidh an sgriobhadh 'n ar lathair-ne.”

An uair a chual' an rìgh so, is ann bu mho a bha de thoil aige sealladh dhìom 'fhaicinn; agus air an aobhar sin thuirt e ris an oifigeach, “Deanaibh mar a dh' aithn mi dhuibh agus gun dail sam bith thugaibh an so am moncaidh iongantach ud.”

Chaidh na h-oifigich air ais a dh' ionnsuidh na luinge, agus litir aca o 'n rìgh thun an sgiobair ag iarraidh air am moncaidh a chur g' a ionnsuidh. An uair leugh an sgiobair i, thuirt e, “Feumar a bhith umhail do dh' aithne an rìgh.”

Chuireadh an t-aodach riomhach umam, agus thugadh gu tìr mi. An sin chuireadh air muin an eich mi, agus dh' fhalbh iad leam gu luchairt an rìgh, far an robh e fhein agus moran a dh' uaislean 's a mhaithean na rioghachd 'g am fheitheamh a chum an tuilleadh urraim a chur orm.

An uair a dh'fhalbhadh leam o'n chladach, thoisich moran sluaigh ri cruinneachadh. Bha gach sraid is uinneag a bh' anns a' chuid sinn de'n bhaile troimh 'n robh sinn a' dol cho lan 's a chumadh iad de dhaoine dhe gach seorsa, a chruinnich as gach earann de 'n bhaile gus m' fhaicinn; oir sgaoil an t-iomradh air feadh a' bhaile, gu'n robh an rìgh a' dol a dheanamh ard-chomhairleach de mhoncaidh. Bha ioghnadh mor aig an t-sluagh dhìom, agus bha iad a' sìor ghlaodhaich as mo dheigh. Mu dheireadh rainig sinn luchairt an rìgh.

Bha 'n rìgh, an uair a rainig sinn, 'na shuidhe air an rìgh-chathair, agus mor-uaislean na rioghachd mu 'n cuairt dha. Chrom mise mi-fhein trì uairean air a bheulaobh, agus an sin leig mi-fhein air mo ghluinean, agus phog mi an t-urlar mar chomharradh gu'n robh mi a' toir umhlachd is urram dha. Na dheigh sin shuidh mi air an urlar mar is gnath leis na moncaidhean suidhe.

Ghabh a' mhor-chuideachd a bha 'n lathair ioghnadh anabarrach an uair a chunnaic iad mar a rinn mi, agus cha b' urrainn iad a thuigsinn cia mar a b' aithne dhomh urram dligheach a thoirt do'n rìgh. A dh' aon fhacal, rinn mi mo dhleasdanas an lathair an rìgh cho modhail 's cho iomchuidh ri duine beo, ach nach robh e 'nam chomas facal bruidhne a dheanamh. Ach cha 'n urrainn na moncaidhean

bruidhinn, agus ged a bha mise an toiseach 'nam dhuine, cha robh mi comasach air facal a radh aon uair 's gu'n d' rinneadh moncaidh dhìom.

Thug an rìgh ordugh do na h-uaislean a bhith falbh. Cha robh comhladh ris ach an t-ard-chaille-teanach agus gille beag bha 'fèitheamh do'n bhord. Thug e leis mi do'n t-seomar anns am biodh e 'gabhail a bhìdh, agus an uair a chuireadh am biadh air a' bhord, smeid e orm gu tighinn agus suidhe aig a' bhord comhladh ris. Gus a leigeadh fhaicinn dha gu'n robh mi deas gus umhlachd a thoirt dha, phog mi an t-urlar, dh' eirich mi 'nam sheasamh, agus shuidh mi aig a' bhord. Ghabh mi na thainig rium de'n bhìadh gu modhail, measarra, mar is gnath le daoìn' uaisle 'dheanamh.

Thug mi an aire 'na dheigh sin gun robh clar-sgrìobhaidh anns an t-seomar, agus leig mi ris dhaibh gu'n robh toil agam beagan sgrìobhaidh a dheanamh. An uair a thugadh do m' ionnsuidh e, sgrìobh mi beagan cheathrannan orain, anns an do chuir mi an ceill mo thaingeachd do'n rìgh air son cho caoimhneil 's a bha e rium. An uair a leugh an rìgh an t-oran ghabh e ioghnadh anabarrach. Thugadh an sin dhomh lan glaine de'n deoch a b' fhèarr a bh' an rìgh ag ol. An uair a dh'ol mi an deoch so sgrìobh mi tuilleadh cheathrannan. Leugh an rìgh iad mar an ceudna, agus thuirt e, "Bhìodh duine sam bith a dheanadh a leithid so air a mheas 'na dhuine ro ard os cionn nan uile dhaoine."

Dh' ordaich an rìgh am bord-tailisg a thoirt g' a ionnsuidh, agus smeid e orm gu suidhe comhladh ris a chluich air. Chuir

[TD 75]

[Vol. 6. No. 10. p. 3]

mi mo lamh air mo cheann, a ciallachadh gu'n robh mi deas gus umhlachd a thoirt dha. Bhuidhinn esan a' cheud chluich, agus bhuidhinn mise an ath dha cluich. Thuig mi nach do chord so ris, agus a chum inntinn a chiuineachadh, rinn mi ceathrannan orain anns an d' innis mi mu dha armailt chumhachdach a bha 'cath gu teith, teann fad an latha, ach a rinn sith feasgair, agus a chuir seachad na bha rompa dhe 'n oidhche gu caoimhneil, cairdeil maille ri 'cheile air an achadh.

Bha h-uile rud a bh' ann a' cur a leithid a dh' ioghnadh air an rìgh 's gu'n do chuir e fios air a nìghinn gu tighinn a steach do 'n t-seomar gus m' fhaicinn. Cha bu luaithe 'thainig i steach na ghrad chuir i srol air a h-aghaidh, agus thuirt i ri 'h-athair, "Le'r cead, a rìgh, dhichuimhnich sibh sibh-fhein an diugh. Tha ioghnadh orm gu'n do chuir sibh fios orm gu tighinn an so an lathair dhaoine."

"Cia mar sin, a nighean!" ars an rìgh, "Cha'n 'eil fhios agad cìod a tha thu ag radh. Cha 'n 'eil neach an so ach an gille-buir, an caille-teanach, agus nì-fhein, agus faodaidh sinn d' aghaidh fhaicinn

latha sam bith; c'ar son, a nis, a tha thu 'cur falach air d' aghaidh, agus a tha thu diumbach dhìomsa air son fios a chur ort!"

"Le'r cead, a rìgh," ars ise, "bidh fios agaibh gun dail gu m bheil mise ceart. Cha 'n e moncaidh nadarra 'th'anns a' mhoncaidh sin idir; is e 'th' ann prionnsa og, mac rìgh mhoir. Chruth-atharraicheadh gu moncaidh e le draoidheachd. B'e am fathach mor mac nighean Eblis, a chuir anns a' chruth sin e. Chuir am fathach so an toiseach gu bas a' bhana-phrionnsa og, mhaiseach, nighean rìgh Epitimar, agus 'na dheigh sin chuir e am prionnsa so ann an riochd moncaidh.

Ghabh an rìgh ioghnadh mor an uair a chuala e so, agus thionndaidh e rium, agus dh' fheoraich e dhìom an robh na dh' innis a nighean dha mu m' dheidhinn fìor. O nach robh e 'n comas dhomh freagradh a thoirt air ann an cainnt, chuir mi mo lamh air mo cheann a' ciallachadh gu'n robh na labhair i fìor gu leor.

(Ri leantuinn.)

NA BEANNTAICHEAN GORMA.

(An Gaidheal, 1877.)

Chuireadh an sgeulachd a leanas thugainn leis an Olla Mac-Lachlainn ann am baile Dhuineidin. Bha i air a sgrìobhadh sìos á beul fear-aithris ann an Eilean Mhinlaidh dlù do Bharraidh, agus air a cur a dh' ionnsuidh an olla leis an neach a sgrìobh i. Is aobhar iongantais a faotainn ann an sud agus cha bheag a' cheist co as a thainig i.

Bha Albannach 'us Sasunnach agus Eirionnach 'n an companaich aig a' chéile 's an arm, agus cìod e a bha iad a' smaoinichadh ach gu 'n teicheadh iad a' cheud chothrom a gheibheadh iad. Fhuair iad sin agus ghabh iad e. Bha iad a' coiseachd fad da latha tre choille mhòir, gun bhìadh gun deoch, agus gun aon tigh 's an t-sealladh. A' h-uile béul-oidhche dh' fheumadh iad dìreadh suas ann an craoibh am fear, le eagal roimh na biasdan fiadhaich a bha 's a' choille, ach an dara maduinn cìod a chunnaic an t-Albannach ach caisteal mor fada air falbh, an uair a bha e 'am mullach na craoibhe aige fhéin. Thuirt e ris fhéin nach biodh aige ach am bàs le fuireach 's a' choille 's gu 'n sgàth ri 'chosnadh ach frèumhan feòir 's cha b' fhada a chumadh sin beò e. A' cheart cho luath 's a thàinig e nìos as a' chraoibh leag e a chas a dh' ionnsuidh a' chaisteil, gun uibhir 's innseadh dh'a chompanaich gu 'm fac e a leithid idir. Bha e gle choltach gu 'n d' atharraich a' ghort agus an éigin a dh' fhuiling iad an nàdur cho mor 's gu 'n robh an darna fear coma cìod e a dh' éireadh do 'n fhear eile na 'm biodh e fhéin air a dhòigh. Bha e 'coiseachd fad an latha, 's ged a bhà, bha e gle anmoch mu 'n d' ràinig e 'n caisteal; ach gu dubh, dona, cha robh aig a' chaisteal ach dorsan dùinte, gun smùid, gun deathaich. Cha robh 'an so gu 'bhi aige ach am bàs co-dhiùbh. Leig e a thaice ris a' bhalla, 's cìod e a chual e air a chùlthaobh gu h-àrd, ach uinneag 'g a

fosgladh. Sheall e 's bha 'm boirionnach bu bhriagha a chunnaic e riamh ann an sin.

"O! 's e am fortan a chuir ann thu," ars' esan.

"'S eadh, 'ille mhaith," ars' ise, "ciod e a tha 'dhith ort, agus ciod e 'chuir an so thu?"

"Chuir an éigin," ars' esan, "tha mi gu bàsachadh a chion bidh 'us deoch."

"Teann a stigh," ars' ise, "tha gu leoir de bhiadh 's de dheoch 'an so."

Chaidh e stigh far an robh i agus dh' fhosgail i seòmair mor dha; agus 's ann an sin a bha 'n sealladh air mac an duine 'n a chadal! Chuir i biadh air a bheulthaobh 's an déigh sin sheòl i do'n t-seomair 's an robh càch e. Leig e e-féin 'n a shineadh air leabaidh, agus thuit e 'na chadal. Ach feumaidh sinn tilleadh a dh' ionnsuidh na dithis a dh' fhàg e 'n a dheigh 's a' choille.

An uair a thàinig àm na h-oidhche agus nam biasdan orra, ciod a' chraobh 's an do dhirich an Sasunnach ach an té 's an robh an t-Albannach an uair a fhuair e fradharc air a' chaisteal; agus cho luath 's a ghlas an làtha 's a sheall an Sasunnach an ceithir àirdibh an athair, ciod e a chunnaic e ach an caisteal, 's a mach a thug e gun smid a chantainn ris an Eirionnach; agus dh' éirich dha dìreach mar a dh' éirich do 'n Albannach.

Bha 'n t-Eirionnach bochd an so 'n a ònrachd, gun fhios c'àite an deachaidh càch. Cha robh aige ach gu bochd truagh fuireach far an robh e. Ciod e a' chraobh 's an do dhirich e an uair a thainig an oidhche ach an té 's an robh an Sasunnach an raoir. Cho luath 's a thàinig an latha chunnaic e an caisteal, 's a mach g'a ionnsuidh ghabh e, 's an uair a rainig e e, cha 'n fhac e coltas teine no duine 'bhi ann. Ach cha b' fhada gus an cual e 'bhi fosgladh na h-uinneig os a chionn. Sheall e suas agus faicear am boirionnach a bu bhriagha a chunnaic e riamh. Dh' fhaighnich e dhith an tugadh i dha biadh no deoch. Thuirt i ris gu fialaidh, còir, gu'n tugadh, agus e theannadh a stigh. Dh' fhalbh e stigh gle thoilichte, 's chuir i biadh 'us deoch air a bheulthaobh nach fhac e riamh cho maith. Bha leabaidh 's an rùm agus fàinneachan daoimein 'an crochadh ris gach lùib chùirteir. Chuir a h-uile ni a bha 's an rùm gu 'leithid de smaointean e 's gu 'n do dhi-chuimhnich e gu 'n robh an t-acras air. An uair a chunnaic ise nach robh e a' gabhail a bhidh, dh' fhaighneachd i dheth, ciod bu choireach. Thuirt e nach itheadh 's nach òladh e gus am biodh fios aige co i, no co as a bha i, no ciod a chuir an sid i. "Innsidh mi sin duit: is nighean rìgh fo gheasaibh mi, agus gheall m' athair ge b'e fear a bheireadh bho na geasaibh mi gu 'm bu leis an treas cuid d'a rioghachd air a bheò agus i uile air a mharbh, agus mise ri m' phòsadh; agus ma chunnaic mi duine riamh air am bheil coltas, no ris an earbainn sin a dheanamh, is tusa an duine. Tha mi ann an so bho chionn shia bliadhna deug, agus cha d' fhaighneachd fear a thainig a chòir a' chaisteil co mi, ach thusa 'n

ad ònrachd. Tha na 'n cadal 's an t-seòmar mhor ud shios a h-uile neach a thainig a chomhead do 'n chaisteal so o'n a thainig mise ann."

"Innis dhomh," ars esan, "ciod e na geasan a th' ort, agus ciamar a gheibheadh tu saor uatha."

"Tha seòmar beag," ars ise, "an sid, agus na 'm faighinn fear a dh' fhanadh ann o dheich uairean gu meadhon-oidhche, tri oidhche an deigh a chéile, bhithinn saor bho na geasan."

"Is mise do ghille ma ta," ars esan, "gabhaidh mi os laimh sin a dheanamh."

An uair a chual i so thug i nuas tombaca 's piob h-uige; ach cha b' fhada gus an cual e straighlich 'us tartraich a muigh aig an dorus, ag iarraidh fosglaidh air.

"Cha 'n fhosgail," ars esan.

"Fosglaidh," ars an fheadhainn a bha muigh.

Cha robh tuilleadh air: sid a stigh an dorus mu 'cheann, 's air a mhuin ghabh iad 'g a bhreabadh 's a' glùineachd air a chorp aige gus an do leum air a' mheadhon-oidhche, 's cho luath 's a ghairm an coileach dh' fhalbh iad. Cha robh airsan ach gu 'n robh e air eigin beò. Cho luath 's a thainig an latha chaidh am boirionnach far an robh e, agus fhuair i e 'n a shlaod sinte air an ùrlar gun smid chainnte aige. Thug i mach botul as a pòcaid, 's leig i air a shuathadh ris o cheann gu 'chasan, 's bha e cho ùr-chréuchdach 's a bha e riamh; ach leis mar a fhuair e a mharbhadh an raoir, cha robh e deònach fuireach oidhche tuille. Ach mhaidich i air gu 'm fuirgheadh e, ag radh nach biodh an ath oidhche cho searbh. Ghabh e comhairle, 's dh' fhuirich e.

A cheart cho luath 's a bha e 'teannadh

(Air a leantuinn air taobh 78.)

[TD 76]

[Vol. 6. No. 10. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's

an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 3 SEPTEMBER, 1897.

Cluich Victoria.

'Nuair a bha Victoria 'na h-ighinn bhig, chaidh i aon uair a chur seachad latha còmhla ri aon de na mnathan-uaisle a bha 'n dlùth chàirdeas dhi. Cha robh fhios aig a' mhnaoi-uasail sin ciod a dheanadh i gus cridhealas a chumail ri 'bana-charaid òig, agus 's ann a thuirt i rithe: "A Victoria, faodaidh tu gach ni a thogras tu fhéin a dheanamh an diugh. Iarr ni sam bith air an smaoinich thu, agus gheibh thu e ma ghabhas e idir deanamh." Smaoinich a' chaileag beagan ùine, agus an sin thuirt i, "'S minig a bu mhiann leam a bhì nighe uinneagan, agus ma 'se ur toil-se e, nighidh mi na h-uinneagan agaibh an diugh." Cha deach a' bhean-usal an cois a facail; fhuair eadh uisge, bucaid, siabunn, agus breidean, agus chaidh ise a bha 'n ceann beagan bhliadhnaichean gu bhì 'na bànrigh'nn air Breatunn, a dh' obair, agus dh' obraich i gu dìchiollach gus 'n do chuir i crìoch air na h-uinneagan uile. Nach minig a bhios a mhuinntir sin ris am bheil farmad againne a' gabhail farmad ruinne! Dh' fhaoite gu bheil sinne miannachadh shochairdean agus shòlasan a bhiodh iad-san gle dheònach iomlaid ruinn air son nan sòlasan air 'n do chuir sinne deuchainn agus a bhitheamaid gle dheònach a thoirt seachad.

Tha cogadh beag a' dol air adhart anns na h-Innsean an ear a tha cur iomguin gu leòr air luchd-riaghlaidh Bhreatuinn. Tha treibh ris an canar na h-Afridich ann an cearn iomclach de 'n dùthaich ri ceannaire, agus tha iad ann an tòmhas math a' fhaotainn buaidh an saighdearan a chrùn. 'Se 'n ni a's cunnartaiche a thaobh na cùise nach urrainnear a bhì cinnteach á dilseach moran de na nàisinnich, agus nach eil fhios nach deanadh a' chuid mhor dhiubh ceannairc na'n saoiladh iad gu'm biodh cothrom sam bith aca air buaidh a chosnadh. Thatar a' deanamh a mach gu 'n cùir Breatunn tuilleadh ainm d'an dùthaich an ùine ghoirid.

A' Choille.

Mur cumar suas a choille cha bhì slàinte aig daoine. Is còir earann iomchuidh de gach dùthaich a bhì fo chraobhan ma thatar air son slàinte agus fallaineachd a bhì air am mealltuinn leis an t-sluagh.

Esan a tha saothreachadh os leith na coille tha e saothreachadh air son math agus buannachd sluaigh na dùthcha. Faodaidh craobh a bhi anns an rathad, ach cha'n 'eil i gun fheum idir. Is e 'n diugh an t-àm air son obrachadh ma tha sinn air son a bhi air ar beannachadh an àite bhi air ar mallachadh le sluagh nan linntean ri teachd. An cinneach a tha deanamh dearmad air na coilltean, is cinneach e d'an dàn a dhol am muga.—<eng>Hon. Elizur Wright.<gai>

Thatar a' faotainn barrachd fiosrachaidh mu Chlondike na bh' aig daoine roimhe so, agus cha'n eil iadsan a tha toirt an fhiosrachaidh sin dhuinn aon-sgeulach mu'n chùis idir. Tha cuid ag radh gur aite anabarrach beairteach e agus àite 'sam bheil e soirbh beòlainte a dheanamh. Ach tha cuid eile ag innse nach eil e ro shoirbh a bhi suas ann idir, gur àit e anns am bheil aig daoine ri dhol troimh chruadalan uamhasach, agus nach eil ach àireamh bheag a' deanamh beairteis ann. Tha àireamh mhor air an t-slighe g'a ionnsuidh an dràsda, mu shia mìle air fad, agus tha cuid a' cur air mhanadh dhaibh gu' m bàsaich àireamh mhor dhiubh romh thoiseach an earraich. Tha an geamhradh a nise tòiseachadh agus mairidh e eadar seachd us ochd mìosan.

GUNNA MOR.—Chaidh an gunna-mor a's motha th' air an t-saoghal a ghlacadh leis na Breatunnaich anns na h-Innsean 'nuair a chaidh an dùthaich sin a chisneachadh. Rinneadh an gunna anns a' bhliadhna 1500 le ceann-feadhna d'am b'ainn <eng>Chuleby Koomy Khan.<gai> Tha 'n gunna sin an diugh air a chur air dòigh gu grinn na bhroinn, agus cathraichean us leapannan ann, agus tha e 'na chleachdadh aig na h-oifigich Bhreatunna bhi cadaal ann.

Chaidh Eirionnach a bha 'na oifigeach anns an arm Bhreatunnach a leònadh gu dona ann am blàr. Bha saighdear cumanta 'na shineadh faisg air agus e 'deanamh gearain uamhasach. Chuir an t-oifigeach suas leis fhad 'sa b'urrainn da, ach mu dheireadh thug e garbh achasan dha:—"Dùin do bheul," ars esan, "am bheil thu 'n dùil nach deachaidh duin' idir a mharbhadh ach thu fhéin?"

Chosg baile Inbhirnis còrr us ochd ceud punnd Sasunnach, no mu cheithir mìle dolair, a' coimhead Iubili na Ban-righ'nn. Chaidh còrr us leth na suime sin a chur cruinn leis an t-sluagh.

Tha Iain L. Sullivan a 'dol a dh'fheuchainn air an fhoghar so ri bhi air a thaghadh mar àrd-bhàillidh air Boston.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann

laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni
e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart
phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada.
Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig
Exhabition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. Mac Fhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 77]

[Vol. 6. No. 10. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha soitheach d' am b' ainm "Annie G." ann am <eng>Port Hood<gai> deireadh na seachdain s'a chaidh, a' gabhail luchd de logaichean a bha i dol a thoirt gu Boston.

Tha Cruinneachadh Gàidhealach ri bhi ann am baile Halifax air an 30mh latha dhe 'n mhios so, aon de na lathaichean a bhios an t-<eng>exhibition<gai> anns a' bhaile. Thatar an dùil gu 'm bi cruinneachadh math aca.

Tha tuathanaich Mhanitoba a' faotainn air adhart gu math leis a' bhuaibh. 'S e 'n aon ni a bhios a' cur dragh orra anns an dùthaich sin an àm na buana eagal gu 'n tig reothadh; ach air an fhoghar so cha d' thainig reothadh idir.

Chaidh duine chrochadh ann an <eng>Nelson, B. C.,<gai> air a 25mh latha de dh' Ogust air son mort. 'S e 'n t-ainm a thug e seachad Seumas Wood, ach bhatar cinnteach nach b'e sin ainm ceart. Bha e na dhuine a bha anabarrach brùideil.

Tha 'n crithneachd a nise creic air dolair am buiseal, agus tha am flùr air éirigh ann am pris gu sia dolair, no còir, am barailte. Thig am biadh daor gle throm air an duine bhoichd, ach ni na tuathanaich a tha 'togail a chrithneachd gle mhath air.

Tha an t-Urr. Domhnull Domhnullach, ministear Strath-Lathuirn, an drasda air chuairt ghoirid aig a sheann dachaidh 's an Interbhal Mhor, faisg air Ceap Nòr. Tha sinn an dochas gu 'n tig a chuairt gu math ris, agus gu 'n till e gu obair le neart agus slàinte ùr.

Cha dithis dhaoine a chur d' an tigh-obrach a <eng>Digby,<gai> air an t-seachdain s'a chaidh, air son meirle. Ghoid iad suim airgeid á stor ceannaiche o chionn thri seachdainean air ais. Fhuair iad da bhliadhna an urra. Bha dithis eile air an cur an sàs comhla riutha, ach fhuair iad ma sgaoil.

Ann an mèinn <eng>Montagu, N. S.,<gai> o chionn da sheachdain air ais, le aon urchair, fhuair eadh fiach mìle dolair de dh' òr as na creagan. Ma leanas mèinnean-oir na dùthcha so fhéin air sior dhol na 's fhearr cha 'n fhada bhios aobhar sam bith aig daoine bha 'ga fagail air son a dhol gu Clondike.

Bha co-sheirm chiùil Albannach anns a' bhaile oidhche Di-ciaduin, air a cumail le Piob-Mhàidsir Manson agus V. A. Mac Gillfhaollain. Bha an talla gu math làn, agus thaitinn an ceòl s' an dannta gu math ris gach aon a bha 'làthair. Tha iad an deigh cuairt a chur air an eilean, agus tha sinn toilichte chluinntinn gu robh soirbheachadh math leo anns gach àite 'n robh iad.

Seachdain gus an Di-luain s'a chaidh, bha triùir dhaoine air an sguabadh le Eas Niagara. Bha iad ag iomradh bàta os a cheann, agus gu h-amaideach chaidh iad ro fhaisg air meadhon na h-aimhne agus rinn an sruth greim orra. 'Nuair a chunnacas iad mu dheireadh, bha iad ag iomradh cho cruaidh 'sa b' urrainn daibh, a feuchainn ri faotainn gu tìr, ach dh' fhairtlich orra. Bu dhaoine 'òga mhuinntir nan Stàitean iad a bha an sud a' cur seachad treis dha 'n t-samhradh.

Fhuair eadh fear <eng>Silas Elsworth<gai> air a bhàthadh ri taobh te de na laimhrigean ann an Sidni Tuath 'sa mhaduinn Di-luain. Bhuineadh e do <eng>Newfoundland,<gai> agus bha e gabhail turuis air an t-soitheach <eng>"Olive."<gai> Chaidh e chadal air bòrd an t-soithich an oidhche roimhe sin, agus e cho math 'sa b' àbhaist da; cha 'n fhaca càch, 's cha d' fhairich iad, ni sam bith re na h-oidhche a chuir iomguin orra, agus cha robh fhios aca mar a dh' éirich dha gus an d' fhuair iad a chorp anns an uisge ri taobh an t-soithich air dhaibh éiridh 'sa mhaduinn. Cha 'n eil fhios cia mar a thachair an sgiordhadh.

Chaidh banc a robaigeadh ann an <eng>Elmsdale,<gai> an stàit <eng>Kansas,<gai> oidhche Di-luain. Chaidh trì ceud deug dolair airgeid a ghoid, agus fiach faisg air mìle dolair de phaipearan a bha 'n gleidheadh ann.

Chaidh gille beag, aois sheachd bliadhna, d' am b' ainm Uilleam Travis, a mharbhadh ann an <eng>Amherst, N. S.,<gai> an la roimhe le tuiteam á craoibh. Bha e air dìreadh do 'n chraoibh an deigh porcupine.

Ann an <eng>California<gai> air an fhoghar so tha 'm fiar a' creic air sia dolair dheug an tunna, agus tha dùil ri e bhi cho àrd ri fichead dolair, an ùine ghoirid. 'S ann a tha e coltach gu bheil prìsean gach seòrsa ag éirigh air a bhliadhna so.

Chaidh còignear chloinne a bhàthadh an Toronto an la roimhe. Bha mu fhichead dhiubh ann am bàta a' dol gu eilean beag a bha mu cheud slat o thìr. Leis a chluich a bh' orra chuir iad am bàta thairis, 's bha 'n aireamh ud dhiubh air am bàthadh.

Bha crithean-talmhainn mora ann an Iapan air a choigeamh latha de 'n mhios a dh' fhalbh. Bha iad air an leantuinn le tuiltean mora, agus chaidh còrr us da cheud duine a bhàthadh. Bha mìle tigh air a chur fodha anns na tuiltean, agus rinneadh call mor.

Air an t-seachdain s'a chaidh, fhuair sgeul air ochdnar dhaoine bhi air an crochadh gun lagh anns na Stàitean. Bu dhaoine-dubha siathnar dhiubh. Tha 'n t-àm aig na Stàitean casg a chur air an obair sin, air neo caillidh an dùthaich a deagh ainm 'sa cliù gu buileach.

Tha Seumas Mac Coinnich, a tha riaghladh na mor-roinne a' cur os ceann gach obair a thatar a deanamh air na ròidean-mora 's air na drochaidean, an dràsda ann an siorrachd Inbhirnis a' cur air dòigh dhrochaidean a bha feumach air càradh. Tha e aig an àm so ann am Mabou.

Bha moran dhiubhsan a chaidh a mach do Mhanitoba 's do 'n Iar-Thuath o chionn ghoirid air am mealladh gu mòr. Cha d' fhuair iad a dhol cho fada 'sa bha toil aca dhol, agus cha robh an obair idir cho pailt 'sa bha 'san ainm. Tha muinntir an rathad-iaruinn air an coireachadh gu mor air son mar a dhéilig ian ris na daoine.

Bha Alasdair Bain, á <eng>Port Hawkesbury,<gai> anns a' bhaile Di-màirt s'a chaidh, agus rinn e céilidh bheag air MAC-TALLA. Tha <eng>Mr. Bain<gai> 'na fhear-gnothuich aig an <eng>International Steamship Co.,<gai> a tha cumail shoithichean-smùide a ruith eadar na mor-roinnean-iseal agus Boston 's puirt eile anns na Stàitean. Tha àireamh mhor de mhuinntir an eilein so a' falbh 'sa tighinn air na soithichean ud na h-uile bliadhna.

Bha coinneamh mhor aig lighichean Breatunnach ann am Montreal air an t-seachdain so. Bha coinneamh aig luchd-eallaidh Breatunnach ann an Toronto o chionn beagan ùine air ais. Tha e car iongantach an da chuideachd a bhi cumail an coinneamhan ann an Canada air an aon bhliadhna, ach tha e soilleir ri fhaicinn gu bheil Canada na 's motha ann an sùilean muinntir na seann dùthcha na bha i riamh roimhe.

Thatar a' faotainn an òir ann an caochladh àiteachan air feadh Cheap Breatunn, ma tha gach sgeul fìor. Tha fhios againn uile gu robhas 'ga faotainn ann an Cheticamp, agus air an Amhuinn Mheadhonaich; ach thatar ag radh a nise gu bheileas 'ga faotainn ann am moran àiteachan eile. Ann am <eng>Middle Cape,<gai> faisg air a' Phòn Mhor, tha òr air fhaighinn, agus mar an ceudna anns a' bheinn air cùl Hogamah, agus theagamh ann an àiteachan mu nach cuala sinn fhathast. Tha sinn an dòchas gu bheil gach sgeul dhiubh so fìor, agus gu faighear an t-òr gu pailt anns gach àite dhiubh.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeod,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte. Sgrìobh gu

<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prìsean ura.

A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 78]

[Vol. 6. No. 10. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 75.)

air a' mheadhon-oidhche chual e iad ag 'eigheach fosgladh, agus bha
triùir ann mu choinneamh an aon fhir a bh' ann an raoir. Cha d' thug
e aon fheairt orra gus a dhol a mach far an robh iad, no gus an

dorus fhosgladh. Ach cha b' fhad a bha iadsan gun an dorus a bhriseadh agus gabhail a stigh m'a cheann. Rug iad air, 's bha iad 'g a thilgeadh eatorra gu mullach an ruim, agus a' gearradh leum air a mhuin gus an do ghairm an coileach, agus an sin dh' fhalbh iad. An uair a thàinig an latha ghabh ise do 'n rùm a choimhead an robh e beò. Thug i mach am botul as a pòcaid agus chuir i ri 'chuinn-leanaibh e, agus thainig e h-uige fhein. 'S e a' cheud fhacal a thubhairt e gur h-e a bha gòrach 'g a mharbhadh fhein air son gin a chunnaic e riamh. Thog e an so air gu falbh agus gun fhuireach na b' fhaide. An uair a chunnaic ise gu 'n robh e air bheachd falbh, ghuidh i air fuireach, a' cur an cuimhne dha na 'm fanadh e aon oidhche eile gu 'm biodh ise saor bho na geasan agus, "A leòra," ars ise, "ma bhitheas aon iteag beò de d' chridhe, 'n uair a thig an latha, bheir an stuth a tha anns a' bhotul ort gu 'm bi thu cho ùr-chreuchdach agus a bha thu riamh."

Leis a h-uile rud a bh' ann ghabh e an urrainn ri fuireach, agus bha triùir a' gabhail da a nochd mu choinneamh an aon fhir a bha ann an da oidhche eile. Bha e gle mhi-choltach gu 'm b' urrainn da a bhi beo an deigh na fhuair e.

An uair a thainig an latha agus a chaidh ise a choimhead am bu bheò e, fhuair i e sinte air a' chlàiridh mar gu 'm bitheadh e marbh. Dh' fheuch i an robh an anail ann agus cha b' urrainn di a dheanamh a mach. Chuir i an so a lamh air a dhuilleig, agus fhuair i gluasad fann aice. Leig i an sin air dòrtadh an stuth a bha 's a' bhotul air, agus cha b' fhada gus an d' éirich e 'na sheasamh, 's a bha e cho maith 's a bha e riamh. Bha 'n so an gnothuch deas: bha nighean an rìgh saor bho na geasan! Thuirt i an so ris san, gu 'm feumadh ise falbh, agus gu 'n tigeadh i g'a iarraidh le carbad cheithir eacha glasa an ceann beagan làithean. Thubhairt e rithe i ghrad-fhuireach 'na tosd; gun a bhi bruidhinn ris-san air an dòigh ud. "Tha daor an éirig agam ort o chionn trì oidhche ma dh' fheumas mi nis a bhi 'dealachadh riut;" ach sùil dh' an d' thug e cha robh i ann idir! Cha robh fios aige ciod a dheanadh e ris fhéin an uair a chunnaic e nach robh sgeul oirre; ach mu'n d'fhalbh i thug i dha slatag bheag, gus an uair a thogradh e fhéin na daoine a bha 'n an cadal bho chionn shè bliadhna deug a dhùsgadh leatha.

"Sin slat agad," ars ise, "agus cha'n 'eil agad ach a bualadh orra agus dùisgidh iad; tha iad 'n an cadal 's an t-seomar mhòr ud shìos o chionn a leithid so de dh-ùine."

An uair a bha e mar so air fhagail 'n a ònrachd dh'fhalbh e stigh 's leig e e-fhein 'n a shìneadh air trì cathraichean a bha 's an rùm, agus ciod a chunnaic e 'nochdadh a stigh an dorus, ach gille beag bàn.

"Co as a thàinig thu, a laochain?" ars' esan.

"Thàinig mi" ars an gille, "gus a bhi 'bruich ur bìdh fhéin."

"Co a dh'iarr sin ort?"

“Dh’iarr mo bhan-mhaighistir, nighean rìgh, a bha fo gheasan, agus a tha nise saor.”

Dh’aithnich e ’an so gu’n do chuir i an gille gu frithealadh dha. Thubhairt an gille ris gu’n d’iarr a bhan-mhaighistir air a bhi deas am màireach mu naoi uairean agus gu’n robh ise gu tighinn g’ a iarraidh le carbad mar a gheall i. ’S e fhéin a bha toilichte an uair a chual e so. Ghabh e mach do’n ghàradh an uair a bha’n uair a’ teannadh air; ach ciod a rinn an gille ’beag bàn ach dealg mhór a thoirt á ’phòcaid fhéin, agus sàthar ’an cùl a chòta gun fhios dha, agus grad-thuitear e ’n a chadal.

Cha b’fhada gus an d’thainig ise le carbad cheithir each. Dh’fhaighneachd i de’n ghille an robh a mhaighistir ’n a dhùsgadh. Thubhairt esan nach robh. “Is bochd a dh’éirich,” ars ise, “tra nach foghnadh an oidhche leis gu cadal. Abair ris mur coinnich e mise mu’n àm so a màireach nach ’eil e glé choltach gu’m faic e mi r’a bheò.”

Cheart cho luath ’s a dh’fhalbh i thug an gille bàn an dealg á còta a mhaighistir agus dhùisg e ’s a’ mhionaid. ’S e a cheud fhocal a thuirt e ris a’ ghille bàn, “Am faca tu i?” “Chunnaic, agus dh’iarr i orm a ràdh riut mur coinnicheadh tu i mu naoi uairean a màireach, nach faicheadh tu gu bràth i. Bha esan fuathasath duilich an uair a chual e so. Cha robh e ’tuigsinn ciod bu choireach gu’n robh an cadal a’ tighinn air aig an àm a bha ise a’ tighinn. Chuir e roimhe gu’n rachadh e chadal tràth a nochd gus éirigh moch a màireach; agus rinn e sin éirigh glé mhoch. An uair a bha e ’teannadh air na naoi uairean ghabh e mach do’n ghàradh ’g a feitheamh gus an tigeadh i, agus bha’n gille bàn còmhla ris; ach a cheart cho luath ’s a fhuair an gille cothrom, thug e’n dealg a mach as a phòcaid agus stobar e ann an còta a mhaighistir i, agus grad-thuitear esan ’n a chadal mar a b’ àbhaist da. An uair a bha e dìreach naoi uairean thàinig ise le carbad cheithir each, agus dh’fhaighneachd i de’n ghille bàn an robh a mhaighistir air a chois an diugh. Thubhairt an gille nach robh, gu’n robh e ’n a chadal mar a bha e ’n dé. “Ud, ud!” ars ise, “’s bochd leam fhein a dh’éirich dha; nach fhoghnadh dha na rinn e chadal fad na h-oidhche ’n raoir? Abair ris nach fhaic e mise gu bràth tuille ann an so; agus so dhuit claidheamh a bheir thu dha’n am ainm-sa agus bheir thu mo bheannachd dha.” An uair a thubhairt i so dh’ fhalbh i.

An uair a dh’fhalbh i thug an gille bàn an dealg á còta a mhaighistir, agus ghrad-éirich e. ’S e a chéud fhocal a thubhairt e, “Am fac thu i?” Thubhairt an gille gu’m fac, agus gu’n robh claidheamh ’an sid a dh’iarr i airsan a thoirt dha. Thòisich e an so air spionadh an fhuilt as fhéin le mullach mulaid. Ach sùil dh’an d’thug e thar a ghualainn cha robh bad de’n ghille bàn aige!

Bha e’n so ’n a ònrachd, agus smaoinich e dol a stigh do’n rùm ’s an robh na daoine ’n an cadal; agus co ’am measg na h-uile a bha ann ach an dithis chompanach a bha aige fhein an uair a theich iad as an arm. Chuimhnich e’n so ciod a thubhairt nighean an rìgh ris-nach robh aige ach an t-slat a thug i dha a bhualadh orra agus gu’n

éireadh iad uile as a' chadal 's an robh iad-cuid dhiubh ann bho chionn shè bliadhna déug; agus co air a bhuail e'n toiseach i ach air a dhà chompanach fhéin. Sin iadsan air am bonnaibh a cheart cho luath 's a bhean an t-slat dhoibh, agus thug e dhoibh an ultach de dh-òr 's de dh-airgiod, agus iad fhéin a thoirt as; ach 's ann a bha'n obair aige mu'n do dhùisg e uile iad; bha dà dhorus a' chaisteil cumhann dhoibh fad an latha!

Bha call nighinn an rìgh a' cogadh r' a inntinn a latha 's a dh-oidhche; agus smaoinich e gu'm falbhadh e air feadh an t-saoghail dh'fhiach am faigheadh e neach sam bith a bheireadh naigheachd dha oirre. Thug e leis an t-each a b'fhèaar a bha 's an stàbull agus dh'fhalbh e. Thug e trì bliadhna air chois eachd tre fhàsaichean agus choilltichean agus cha d'fhuair e neach a thug dha naigheachd oirre. Thuit e mu dheireadh ann an eu-dochas cho mór agus gu'm feumadh e làmh a chur 'n a bheatha fhéin. Rug e air a' chlàidheamh a thug ise do'n ghille bhàn gus a thoirt da, 'dol a ghearradh a sgòrnain fhein leis. An uair a spìon e as an truaill e, ciod a chunnaic e ach sgrìobhadh air an taobh aige. Sheall e air, agus ciod a bh'ann ach; "Gheibh thu mise anns na Beanntaichean Gorma." Thug so maisneach dha, agus leig e dheth buil a thoirt as fhéin. Smaoinich e gabhail air aghart 'an dòchas gu'n tachradh neach ris a bheireadh dha naigheachd air c'àite an robh na Beanntaichean Gorma. An deaghaidh dha astar gun chiall a dheanamh, chunnaic e mu dheireadh solus fada uaithe, 's rinn e dìreach air. An uair a rainig e an solus ciod a bh'ann ach bothan tìghe. Cho luath 's a dh'fhairich am fear a bha stigh tartraich chas thainig e mach, 's co bha nìos g'a ionnsuidh ach marcaiche.

Dh'fhaighneachd e dheth ciod a thug an sid e, agus c'àite a bha e 'dol. "Tha mise," os esan "ann an so o chionn thrì chéud bliadhna, agus aon mhac duine cha'n fhaca mi 's an ùine sin ach thusa 'ad ònrachd."

"Tha mise air falbh o choinn thrì bliadhna," ars an t-Eirionnach, dh'fhiach am faigh mi neach sam bith a dh'innseas dhomh c'àite am bheil na Beanntaichean Gorma."

"Thig a stigh," ars an seann duine, "agus cuiridh tu seachad an oidhche comhla rium fhein. Tha leabhar agam anns am bheil eachdraidh an t-saoghail, agus theid mi roimhe a nochd, agus ma tha a leithid de àite 'us na Beanntaichean Gorma ann, leóra, bithidh fios agam air."

(Ri leantuinn.)

[TD 79]

[Vol. 6. No. 10. p 7]

Na Gaidheil ann an Canada.

Tha iomadh fine 'tuineachadh anns an duthaich mhor bheartach anns am

bheil sinn uile 'gabhail comhnuidh. Tha Innseanaich, 'us Sasunnaich, 'us Eirionnaich, 'us Frangaich, 'us Gearmailtich, 'us Albannaich, 'us Eadailtich, agus feadhainn eile 'cosnadh an teachd-an-tir agus a' sealbhadh na saorsa 's nam buaidhean lionmhor a bhuineas do Chanada ann an tomhas gasda, measail, morail. O cheann iomadh latha 's bliadhna rinn na Gaidheil obair chruaidh, ghoirt, mhaith anns gach cearna de Chanada. Anns na roinnean a tha shios ri taobh na fairge luasganaich, an Cuibeic, ann an Ontrio, anns na comhnardan 'us anns na h-achaidhean arda, 's am measg nan cnoc feurach, farsuing a tha ann an iar-thuath ar dùthcha thorraich, àluinn, is iad na Gaidheil a rinn na gnìomharan a's modha 's a nochd neart, 'us tapachd, 'us dealas, nach do nochd fine air bith eile ann an gearradh sìos nan craobh 'us nam frith aosmhor, tiugh, mora. Cha 'n eil ach eolas bochd aig an linn a tha nis a lathair air gach amhghar, 'us cruadail, 'us gaisge, 'us aghartachd, 'us treoir, a chleachd na Gaidheil bho cheann ginealaich no dha ann an glanadh an fhearainn, 'us ann an uidheamachadh ionaid-comhnuidh doibh fein 'us d' an teaghlaichean, far am bitheadh iad sona, saor gun eagal, gun sgath no geilt am measg pailteis, 'us slainte, 'us soirbheachaidh.

Is ann le cridhe tuirseach, airsneulach, a dh' fhag iomadh Gaidheal tir nan gleann 's nam beann, 'us a dh' fhag e beannachd gu brath leis a' ghleann no leis an t-slios no 'n learga anns an d' rugadh e, 's anns an do chaith a shinnsirean an laithean. Is ann le faireachduinnean tiamhaidh, muladach, a ghabh iomadh Gaidheal a rinn ainm maith agus a fhuair fardach 'us maoin ann an Canada, an cuain beucach fodha, 's a thionndaidh e gu brath a chulthaobh ri fraoch 'us barrach, ri cnoic us raoin na tire anns an d' rugadh e.

"Tha siùil ri croinn 'g an sgaoileadh shuas
'Us gaoth nam beann ag iarraidh chuain,
Tamh nis faid' cha 'n fheudar leinn
Ach iarramaid gun dail na tuinn.

Slan le Albuinn ghleann 'us chnoc,
Oir 's eigin dhomhsa triall an nochd,
Gun duil am feasd ri cois air d' fheur,
Mochreach! mo chradh! 's e fath mo dheur."

Is ann le toileachas mor agus le aighean proiseil a ghabhas sinn beachd gach àm air an inbhe urramach a choisinn na Gaidheil doibh fein ann an Canada. Anns gach innleachd us treubhantas, anns gach stri us dealas, ann an riaghladh na dùthcha, ann am fosgladh suas gach ionmhais, 's ann an deanadh laghannan iomchuidh, dìreach, ann an gliocas us dùrachd us onoir a nochdadh agus a chumail suas-tha Gaidheil a' mealltuinn cliu aillidh 'us ughdarras nach eil gann no suarach. An Ridir Iain Mac Dhomhnuill, Alasdair Mac Coinnich, iomadh Mac Illeathain, 'us Camaronach, us iomadh Gaidheal eile rinn seirbhis chudthromach 's a bha glic, ealanta, mor-inntinneach ann am parlamaid ar dùthcha; choisinn iad uile le 'm beusan 'us an euchdan ainm maith doibh fein, agus meas us miadh do na Gaidheil gu leir. Thig e do gach neach a bhi daonnan ag altrum speis do na daoine bho 'n d' thainig e: do 'n dùthaich anns an d' rugadh iad, agus do na chanain a labhair iad gu pongail, fileanta, agus do na h-abhaistean

a bha taitneach leo. Tha 'n t-Innseanach bochd airidh air moladh sonruichte, am feadh tha e 'g iarraidh leis na buaidhean us leis an tapaidh a tha aige, urram a chur air an fhine d' am buin e, 's dearbhadh laidir follaiseach a thoirt seachad gu bheil na h-Innseanaich comasach air beusan cliuiteach fhadadh suas, agus gur e run suidhichte chridhe fein leis gach dichìoll us oidheirp us deadh-chomhluadar, a bhi 'cosnadh agus a trusadh cairdeis, us speis, us muirn maiseach, measail da fein agus gu sonruichte do na h-Innseanaich ris am bheil daimh laidir sheasmhach aige, oir is e an aon fhuil a tha ruith anns na cuislean aca agus a tha 'blathachadh an cridheachan. Ma tha air uachdar an t-saoghail fine no daoine aig am bheil aobhar treun, meamnach a bhi dileas d' an canain us d' an eachdraidh us a bhi proiseil do bhrìgh gu buin iad do dhuthaich us do fine 'bha daonnan gaisgeil, onarach, seasmhach, mearganta, is ann da rìreadh do Ghaidheil Chanada 'bhuineas an inbhe urramach, snasmhor, so. Is iomadh latha bho 'n labhair an sar-Ghaidheal eireachdail, uasal, Tormaid Mac Leoid, fìor charaid nan Gaidheal anns an doigh so mu dheibhinn an dochais a bha aige gu bitheadh Gaidheil Chanada dileas doibh fein agus do chanan us abhaistean an duthcha. Ann an comhradh do Leabhar nan Cnoc, tha 'n t-ollamh eudmhor, dileas, dealasach ag radh, "Na creidibh iadsan a tha 'g radh gu bheil a Ghailig air leabaidh a bais! tha i co slàn laidir, urail, agus a cuisle co fallain, 's a bha i riamh; agus ged a thachradh e gu biodh i air a fogradh á h-Albainn a maireach, tha farsuingeachd agus fasnadh a' feitheamh oirre taobh thall do 'n chuan mhor, far am bheil cheana na mìltean d'a muirichinn fein a dh' fhailticheadh agus a dh' altrumaicheadh i le solas." Am bheil Gaidheil Chanada an diugh co dileas agus co fiughanta 's a bu choir daibh a bhi ann an cumail suas an canain agus a dearbhadh le 'n durachd 'us le 'm fiughantachd gu bheil iad toileach agus easgaidh a bhi toirt caoimhneis agus comhnaidh do MHAC-TALLA 's dhoibhsan a tha 'deanamh an ulaidh-mhaitheis ann a bhi deasachadh re gach seachduin, paipeir a tha 'g innsidh ann an Gàilig ghrinn, laghach, ghlan, iomadh ni choir toileachadh 'us prois, 'us eud a thoirt do gach Gaidheal a tha 'n diugh an Canada. Anns an t-seachduinn a leanas, their mi moran tuilleadh mu dheibhinn nan Gaidheil ann an Canada.

CONA.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN

DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 80]

[Vol. 6. No. 10. p. 8]

Na Sruthain.

“Eighidh na broin bheaga, tha na mor bhroin balbh.”

A shruthain, a shruthain an aonaich,
Ag greasad fo aomadh nam fras;
A' froiseadh feadh phronnlach an aodainn
'S a' taomadh na d' chaol-shruthain ghlas;
Mar 's taine bho d' iochdar gu d' uachdar,
Mar sin 's ann is fuaimear do ghuth;
'S 'n uair nach tog am mor shruthan luath-ghair,
Cuiridh 'n fhaoin-fhras ard ghleadhraich na d' shruth.
Nach minig a chi sinn mu 'n cuairt duinn;
Cuid tha gluasad mar chàch anns gach ni,

Gus 'n tachair do thrioblaid am bualadh;
'S an sin chithear buaidhean an cridh',
O, togaidh iad àrd an guth fuaimneach,
Bithidh caoidhrean na truaigh' ac' nach faoin,
An duil gu 'n gabh daoine mòr-thruas diubh-
Cha d' ionnsuich iad falamhachd dhaoin'.

Ach 'alltain, O, 'alltain nan lòintean,
Cha chualas riamh mòr fhuaim bho d' ghuth;
'S ge domhain, 's ge dorch thu 's a' chòmhnard
Seasaidh caol-luibhean uaine na d' shruth:
'S ged sguabas mu 'n cuairt ort na frasan;
'S beag dh' aithnichear ortsa de 'm buaidh,
Ach thu gluasad beagan na's braise,
'S a' plogail na 's truime ri d' bhruaich.
Nis, thusa tha duineil 'n uair chuireas
Mor thrioblaid no deuchainn ort gruaim,
Cha chluinnear le moran do thuireadh;
Ach mùchar an searbhadas cruaidh;
Oir mulad beag falamh a' ghearain,
Is gearr gus an gabh e air falbh:
'S e fìor bhròn, bròn 's trice 'tha maireann
'S mar shruthan an lòn tha e balbh.

MAC-OIDHCHE.

Laoidh no Marbhrann.

A bhi 'g earbs' ann an duine, sin a bhunaid tha truagh,
'S ann mar sin dhearbh iad duinne 'nuair bha trioblaid ma cuairt,
Tha 'n t-eug le gath guinneach tabhairt a bhuillean cho cruaidh
Ge b'e taobh bheirinn m' aghaidh cha 'n fhaighinn ach fuachd.

Fhuair mi cupan na h-àmhghar, uisge Mhàrah ri òl,
Gur deoch i tha duilich d o dh' fhuil is do fheòil;
'S ged nach urrainn mi iomradh thoirt air iomlan ri m' bheò
'S ann am buideal na flaitheas a thaisgair mo dheòir.

Tha òrdeannan seasmhach aig freasdalan Dhé,
Ged leughas mi duilleag tha tuilleadh na deigh;
Na measamaid cruaidh e thoirt bhuaibh a chuid féin,
Tha còir aig a bhuachaill air uain is a threud.

Tha ar làithean mar dheatach nach faicear ach gearr,
No mar na maoth lusan a thuiteas gu lar;
Bha taitneas na beatha fa leth annta fàs
Dh' aon bheum chaidh an gearradh cha deach an sgaradh 'nam bàs.

Tha na pailliunean beaga air an leagail nis sios,
Gur e teampull a chuirp e dhol na duslach a ris,
Chaidh an trioblaidean thairis 's cha 'n fhairich iad sgios
Air an lionadh le aoibhneas ann a toilltanais Chrìosd.

Ach co dh' ionnsuidh an teid mi le m' chreuchdan 's le 'm 'dheòir,
'S gun ioclaint' ni feum dhomh aig creutair tha beò,
Dh' fhosgladh tobair 'n tigh Dhaibhidh, tha i saibhir gu leòir,
Tha i 'n diugh ann am thairgse gun airgead 's gun òr.

Cha 'n eil dhol as anns a' cath sin, cha 'n eil seachnadh bho 'n bhàs,
Ged 's math iocshlantean dhaoine gur faoin iad 'sa chàs,
Bheir e 'n gaisgeach a's tréine fo ghéill dha gun dàil
Bhris a roth 's soitheach-cumail, 's chaidh a chunneag na clàir.

Tha anail an duine ann a cuinnean a shròn,
I cho diomhain 's cho diumbuain ris na fionannan fheòir;
Bidh Iudhaich is cinnich air a tionail fa-dheòidh
Gu seasamh na crannchur 's nach bhi aimsir ni 's mo.

'Nuair a sheideas an trompaid 'sa dhùisgeas na mairbh,
Gur son' iad a mhuinntir rinn cinnteach an gairm,
Thog an tigh air a charraig 's nach caruich an stoirm
'Nuair bhios nèimh agus talamh 'dol thairis le toirm.

'N dream tha faicilleach, diaghaidh, chur an siol leis na deòir,
Siol fallain na firinn ro-phriseil am pòr;
Gheibh iad toradh an spioraid ra tionail a ghlòir:
Ach gu siorruidh cha bhuainear ach truailleachd o'n fheòil.

Sud am preas a tha Iasadh, cha chaith e gu bràth,
Tha làithreachd an Tighearna na meadhon a tàmh;
Ged a shéideas na gaothan cha 'n aom e gu làr,
'Sann 'sa chumhnanta shiorruidh tha 'friamhan an sàs.

Chualas guth ann a Ramah, tha Rachael a' caoidh,
Rinn Herod an-ìochdmhor a sliochd chur a dhith,
Ach tha anama fo 'n altair air an tasgadh an sith,
'S iad le fadachd a' feitheamh gu thoir iad breth air an Rìgh.

Rinneadh an dàn so le Mr. D. I. Mac Rath a bha a' fuireach air an Eilean Mhor, agus a chaochail o chionn còrr agus bliadhna. Bha e 'na dhuine còir, measail, agus tha an dàn so a' nochdadh gu robh na deagh chomasan-inntinn aige. Rinn e an dàn air do dhithis de 'chloinn caochladh leis an amhaich-ghoirt.

O CHIONN còrr us bliadhna sgrìobh an t-Urr. T. Watson, á <eng>Coburn. Ont., <gai> mar a leanas:—Tha K. D. C. an deigh atharrachadh mor a thoirt orm, aon uair 's gu 'n do thòisich mi air a ghabhail. Tha tinneas mo stamaig air falbh gu buileach, agus tha mi na 's saline na bha mi o chionn bliadhnaichean. Tha mi creidsinn gu bheil e cheart cho math 'sa tha iad-san a tha 'ga dheanamh ag radh.

(Aug. 14, 1896) sgrìobh e rithist:—"Tha mi toilichte innse gu bheil an leigheas a rinn K. D. C. orm buan."

K. D. C. Bu choir e bhi anns a h-uile dachaidh, o'n tha e math air gach eucail bheag us mhor a tha buailteach do 'n stamaig, a leigheas.

Tha K. D. C. Pills anabarrach math air son tinneasan-cuim. Ma ghabhair iad comhla ri K. D. C. leighsidh iad teanntachd.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean.
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN
direach as na muillnean.
(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)
TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.
Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.
Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 81]

[Vol. 6. No. 11. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 10 <eng>SEPTEMBER<gai>, 1897. No.

11.

Strathchomhainn.

Tha am Morair Mac Amhlaidh ag innse dhuinn na 'eachdraidh gu bheil an t-ainm Gleann-comhann a ciallachadh Gleann a Chaoinidh. Tha fios gun robh caoineadh gu leoir anns a ghleann ud air an oidhche uamhasaich anns an deach an sluagh a mhort. Ach tha fios againn cuideachd gun robh an t-ainm Gleann-comhann ann am bith fada mu'n do rugadh Rìgh Uilleam no Morair Bhraidalbainn. Tha moran ag radh gu bheil am facal comhann a seasamh airson an fhacail cumhann, agus gur h-e mar sin an gleann cumhann is ciall do 'n ainm Gleann-comhann. Faodaidh e a bhith gu bheil so fìor, ach cha 'n eil dearbhadh sam bith againn gu bheil.

Tha abhainn bheag a ruith troimh Ghleann-comhann ris an abrar a Chomhann. 'S math a b' aithne do dh' Ailein Dall i.

“Bho Chomhann nam bradan
Is gasd 'thig fo thriall
Clann-Iain gun ghealtachd,
Bha 'n neart-san leat riamh;
Le 'n airm an deagh òrdugh,
Luchd a leonadh nam fiadh,
'S a dheanadh an tolladh
Mu 'n cromadh a ghrian.”

An oran eile tha am bàrd binn so ag radh:

“Ghineadh mi 'san tìr nach coimheach,
'S chaisginn m' ìotadh le brìgh Chomhann;
Tobar iocshlainte nach reodhadh,
'G éiridh 'nìos bho 'n dìlìnn dhomhainn.”

Faodaidh e a bhith gun d' fhuair an abhainn ainm air thoiseach air a ghleann. Ma 's ann mar so a bha chuis, tha 'n t-ainm Gleann-comhann a ciallachadh gleann na h-aibhne ris an abrar Comhann. Gu dé, ma ta, is ciall do 'n fhacal Comhann? Tha e gle fhurasda ceistean de 'n t-seorsa sin a chur, ach e tha fìor dhuilich am freagairt. Theagamh gur h-e Cothon an doigh litrichidh cheart, agus nach h-e Comhann. Tha 'm facal cothon a ciallachadh cobhar. Faodaidh e a bhith mar sin gur h-e 's brìgh do 'n ainm Gleann-comhann, no Gleann-cothan, gleann abhainn a chobhair.

Ciamar a rinneadh am facal cothon? Cha 'n eil fios agamsa mar do rinneadh e de 'n da fhacal co agus tonn. Tha e gle chinnteach gu'm biodh cobhar far am biodh co-thonn no da thonn a bualadh ri 'cheile. Tha cuid ag radh gur h-e cothon agus omhan an t-aon fhacal. Dh' fhaoidte gur h-e, ach cha 'n eil mi a tuigsinn ciamar is urrainn sin a bhith. Cia as a thainig an litir e?

'S e Cona a Bheurla a th' air Comhann. Tha Strathcona mar sin a ciallachadh strath na h-aibhne do 'n ainm Comhann. Buinidh e an nis

do Dhomhnull Mac-a-Ghobha, agus bho 'n a tha e na mhorair, 's e Morair Strathchomhainn a th' aig air fhein. Tha 'n t-ainm gle fhreagarrach, oir tha Mac-a-Ghobha na uachdaran os cionn gach lag, is lùb, is creag, is beinn a chi e.

Tha Morair Strathchomhainn na dhuine gasda agus bithidh e na uachdaran math. Ach nach eil e na ni truagh gum biodh gleanntan agus beanntan na Gaidhealtachd air an roinn eadar beagan de thighearnan, ceudan de dh' fheidh, agus miltean de chaoraich. Càit a bheil na daoine? Tha cuid dhiu aig an iasgach, cuid an Glaschu, 's a chuid eile sgapte feadh an t-saoghail.

Co nach cuala mu 'n Reiseamaid Chataich? Nuair a bha na gillean òga a bha san reiseamaid sin a cur smachd air Bonipart 's a dòrtadh am fala na h-uillt airson Bhreatainn, bha Bana-Mhorair Chataibh a tilgeadh am parantan aosda am mach as an taighean, a cur am bothain bhochda nan lasraichean teine, agus gam fagail fhein 's an cuid nighean gun bhiadh, gun leaba, gun dachaidh, gun fhasgadh. Cha 'n fheil mise am namhaid do Bhreatann, ach tha mi am namhaid do na h-uile duine a tha na namhaid d'i. Aig a cheart àm cha 'n urrainn mi a radh nach robh coire sam bith aig Breatann ris an obair mhallaichte a rinneadh ann an Cataobh. Nach h-e pàrlamaid Bhreatainn a tha deanamh laghanan do 'n dùthaich? Carson a bhiodh lagh air a dheanamh no air 'fhàgail deante, a cheadaicheadh gum biodh siorramachd aig aon duine fo òrdaig gu a thoil fhein a dheanamh rithe? 'S e mo ghuidhe 's mo dhùrachd gun dig an latha, 's gun dig e gu luath, anns nach bi duine no bean eadar Maol Chinntire agus Taigh Iain Ghròt an Gallaibh a's urrainn a radh, "Tha còrr agus mìle acaire de 'n fhearann a thug Dia do na Gaidheil agamsa fo m' smachd gus mo thoil fhein a dheanamh ris."

GLEANN-A-BHAIRD.

A Ghailig an <eng>New Zealand.<gai>

Fhuair sinn paipear o ar caraid Iain Rothach an la roimhe anns am bheil iomradh air a thoirt air coinneamh mhiosail Chomuinn Ghàilig Dhunedin. Bha àireamh mhor a lathair, agus Domhnull Rothach (á sgìre 'n t-Srath 'san Eilean Sgiathanach) 'sa chathair. Rinn fear na cathrach òraid ghasda a luibhairt ann an Gàilig, anns an d' thug e earail air na Gaidheil a dhol a stigh ris a' chomunn agus a bhi dileas d'an cànan. Thug e iomradh air dilseachd nan Gàidheal ann an Canada, agus labhair e mu MHAC-TALLA agus an obair a tha e 'deanamh. Bha àireamh de dh' òraidean Gàilig eile air an luibhairt le buill a chomuinn. Thug an Dotair Gordon Domhnullach seachad mion-chùnntas air na chunnaic e air cuairt ann an baile na Ròimhe. Bha an sin co-sheirm aca, agus b' òrain Ghàilig a chuid mhor de na chaidh a sheinn.

A reir na th' anns a phaipeir tha sinn a tuigsinn gu robh coinneamh mhath aca, agus gu robh dùil aca ri coinneamh a' b'fhèarr air an ath mhios. Tha sinn toilichte chluinntinn mu 'n chomunn Ghàilig so agus tha sinn an dòchas gu'm bi soirbheachadh math leis.

Bha ceilidh aig Taigh na Bruaiche aon uair agus thàinig na gillean agus na caileagan as gach àite mu 'n cuairt. Bha na gillean smiorail, sgairteil le breacanan agus boireidean gorma gu leòir, agus mar is àbhaist do na caileagan Gàidhealach, bha iad-san laghach, lùrach, ceanalta, baigheil, bòidheach, ionnas gu 'n do chaill na gillean bochda an cridheachan gu buileach, glan. Bha gille gasda an lathair do 'm b' ainm Ian agus bha e cumail suile air Seònaid nighean a' chlachair, caileag dhubh, mhor, dhireach, agus ann an ceann tacan chaidh e chuide agus thuirt e rithe, "A Sheònaid, a laoidh mo chridhe, nach pòs thu mise?" Thug Seònaid sgread bheag aisde agus thuirt i, "Och, Iain, chuir thu eagal orm." A nis bha eagal a chridhe air Ian e-féin a thaobh na thuirt e, agus chum e ri ceann eile an taighe fad an fheasgair. Nuair a bha e fàs anmoch agus a chunnaic Seònaid nach d' thàinig Ian da h-ionnsuidh a rithist, chaidh ise da ionnsuidh-san agus thuirt i ris gu ciùin, "Iain! nach cuir thu eagal orm a rithisd?"

Tha cùisean na Tuirce 's na Gréige gun an réiteach fhathast. A reir coltais 'si Breatunn an aon dùthaich a tha feuchainn ris a' ghnòthuch a chur an darna taobh agus tha Ruisia 'sa Ghearmailt ag obair na h-aghaidh.

Thatar a meas gu bheil còrr us seachd mìle deug duine anns na prìosain anns na Stàitean. Cha'n eil iomradh air a thoirt air na bu choir a bhi annta 'sa tha ma sgaoil.

[TD 82]

[Vol. 6. No. 11. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. XIII.

Thuirt an rìgh an sin ri' nighinn, "Cia mar a tha fhios agad gur ann le draoidheachd a chuireadh am prionnsa so ann an riochd moncaidh?"

"Innsidh mi sin dhuibh," ars ise. "An uair a bha mi mu dheich bliadhna 'dh' aois, bha seana bhean, mar a tha cuimhne agaibh, a' frithealadh dhomh. Bha eolas anabarrach farsuinn aice air draoidheachd. Dh'ionnsaich i dhomh trì fichead cleas 's a deich de na cleasan draoidheachd. Leis na cleasan so rachadh agam air ceann-bhaile na rioghachd a thilgeadh ann am piobadh na sul an teis meadhain a' chuain, no air chul Beinn Chacanus. Leis an ealain so aichnichidh mi anns a' mhionaid a h-uile neach a tha fo gheasan, agus co a chuir ann iad. Air an aobhar sin, na biodh ioghnadh sam bith oirbh ged a thogainn-sa na geasan gun dail bhar a' phrionnsa,

agus chuirinn 'n 'ur lathair e anns a' chruth nadarra anns am bu choir dha bhith."

"A nighean, cha robh fhios agam gus a nis gu'n robh uiread sin a 'dh eolas agad," ars' an righ.

"Mo thighearna," ars' an nighean, "tha'n t-eolas so iongantach, agus is fhiach e 'ionnsachadh gu curamach; ach cha 'n 'eil mi 'smaointean gur coir dhomh uaille a dheanamh as."

"A nis, o 'n a theid agad air," ars' an righ, "tog na geasan bhar a' phrionnsa."

"Ni mi sin, agus cuiridh mi e anns a' cheart chruth 's an robh e an toiseach," arsa nighean an righ.

"Dean e, ma ta," ars' an righ, cha'n urrainn dut taitneas a's mo a thoirt dhomhsa; oir ni mi ard-chomhairleach dheth, agus posaidh e thu fhein."

"Mo thighearna, tha mise deas gus umhlachd a thoirt dhuibh anns gach ni a chuireas sibh mu m' choinneamh," ars' ise.

An uair a thuirt i so, chaidh i do 'n t-seomar aice fhein, agus thug i sgian as air an robh facail Eabhra sgrìobhte. Thug i air an righ, air a' chaillteanach, air a' ghille-buid, agus ormsa a dhol sìos do chuirt a bh' anns an luchairt. Bha lobhta-chrochaidh mor-thimchioll na cuirte, agus thug i oirne 'nar ceathrar seasamh air an lobhtaidh so; ach sheas i fhein ann am meadhain na cuirte. Tharruinn i cearcal mor mu'n cuairt air an aite 's an robh i 'na seasamh, agus sgrìobh i na h-uiread a dh' fhacail ann an litrichean Arabianach an taobh a staigh de'n chearcal so. An uair a bha gach ni deas a reir a miann, thoisich i ri labhairt briathran draoidheachd, agus ri aithris earrannan de'n Choran. An ceann beagan uine thoisich an t-aite ri fas dorcha, mar gu'm biodh deireadh an t-saoghail air tighinn. Bhuail an t-eagal sinn gu h-anabarrach, gu h-araid an uair a chunnaic sinn am fathach, mac nighean Eiblis, air ar beulaobh ann an riochd leomhainn a bha uamhasach mor.

Cha bu luaithe a chunnaic ise e na thuirt i, "A choin, an aite bhith similidh 'n am lathair mar bu choir dhut, am bheil de dhanadas agad feuchainn ri eagal a chur orm?"

"Agus thusa," fhreagair an leomhann, "an e nach 'eil eagal ort bristeadh air na mionnan a bh' eadrainn nach deanamaid cron sam bith air a cheile?"

"O chreutair mhollaichte!" arsa nighean an righ, "is math a dh' fhaodas mise a radh gur tusa a bhrìst air na mionnan."

Fhreagair an leomhann gu garg, "Gheibh thusa do dhuais gun dail air son mise thoirt an so."

An sin dh'fhosgail e a chraos, agus thug e ionnsuidh air a h-

itheadh, Ach bha ise 'na faireachadh, agus thug i leum air a h-ais Spion i roineag de 'n fhalt as a ceann, agus an uair a labhair i tri facail, chuir i i-fhein ann an riochd claidheimh leis an do ghearr i an leomhann 'na dha leith.

Chaidh an da leith so as an t-sealladh, ach dh'fhan ceann an leomhainn, agus ann an tiotadh chaidh e ann an riochd scorpioin. Ann am priobadh na sul chaidh nighean an righ ann an riochd nathrach, agus chathaich i ris an scorpion gus am b' eiginn da teicheadh ann an riochd iolaire. Ach cha bu luaithe a chaidh an scorpion ann an riochd iolaire na chaidh an nathair ann an riochd iolaire mar an ceudna. Chaidh iad le cheile as an t-sealladh car uine. 'N dheigh sin dh' fhosgail an talamh air ar beulaobh, agus thainig cat breac geal am mach, agus a h-uile gaoisne a bh' air 'nan seasamh, agus e 'mi-amhalaich gu h-eagallach. Thainig madadh-allaidh dubh am mach 'na dheigh, agus cha do leig e fois dha. Chaidh an cat ann an riochd cnuimh; agus thachair gu'n robh ubhall air an talamh a thuit bhar na craoibhe a bha 'fas air bruaich na h-aimhne, agus gun dail chaidh a chnuimh a steach ann. Dh'fhas an t-ubhall cho mor ann an tiotadh 's gun do spraidh e na phiosan. Chaidh am madadh-allaidh ann an riochd coilich, agus thoisich e ri itheadh nam frasan a bha 'm broinn an ubhall. Ach an uair a shaoil e gu'n d 'ith e iad uile, thainig e an rathad a bha sinn, agus a sgiathan sgaoilte, agus e 'gogail gu trang, mar gu'm biodh e 'faighneachd dhinn, an d' ith e na frasan uile. Bha aon silean de 'n fhras aig bruaich na h-aimhne, agus an uair a thug an coileach an aire dha, ruith e g' a iodnsuidh gus itheadh; ach an uair a bha e gus a bhith aige, rol an silean e fhein do 'n amhainn, agus chaidh e 'na iasg beag. Ann an tiotadh chaidh an coileach 'na iasg mor, agus thoisich e ri ruith an deigh an eisg bhig. Bha iad da uair an uaireadair fo 'n uisge, agus cha robh fhios againn ciod a dh' eirich dhaibh. Ach mu dheireadh chuala sinn glaodhaich uamhasach a thug oirnn a dhol air chrith leis an eagal, agus an sin chunnaic sinn am fathach agus nighean an righ 'nan lasraichean teine air ar beulaobh. Bha iad a tilgeadh lasraichean teine as am beoil air a cheile. Bha leithid de theine 's de thiughcheo timchioll orra 's gu'n robh eagal oirnn mu dheireadh gu'n cuireadh iad an luchairt 'na teine. Ach an uine ghoirid bha aobhar eagail bu mho na so againn; oir an uair a fhuair am fathach a lamhan nighean an righ thainig e far an robh sinn air an lobhtaidh, agus thoisich e air tilgeadh lasraichean teine as a bheul oirnn. Bha siun air ar losgadh mur b 'e gu'n d' thainig nighean an righ 'g ar teanacsadh. Ach a dh' aindeoin na rinn i gus a chumail uainn, loisgeadh feusag agus aghaidh an righ gu h-olc; thacadh an cailleteanach, agus rinneadh dubh-ghual dheth, agus chuir an lasair te de na suilean asamsa. Bha duil agamsa agus aig an righ nach robh tuilleadh saoghail againn, an uair a chuala sinn ise a' glaodhaich, "Buaidh, buaidh!" Ann an tiotadh bha nighean an righ 'n cruth nadarra fhein, ach bha am fathach 'na thorr luathadh.

Thainig i gun dail far an robh sinn, agus dh'iarr i cupan uisge a thoirt g' a h-ionnsuidh. Thug an gille-buird uice e, agus an deis dhi facal a radh nach do thuig mi, dhoirt i mu m' cheann e, ag radh, "Ma 's ann le draoidheachd a rinneadh moncaidh dhiot bi air d' atharrachadh gu cruth duine mar a bha thu roimhe." Mu 'n gann a

labhair i na briathran so, bha mise ann an cruth duine mar a bha mi 'n toiseach ach gu'n robh aon suil g' am dhith.

Bha mi 'dol a thoirt taing do nighean an rìgh air son na rinn i de mhath dhomh, an uair a labhair i ri 'h-athair mar so:—"Mo thighearna, fhuair mi buaidh air an fhathach mar a tha fhios agaibh; ach tha i gle dhaor dhomh, oir cha bhi mi beo ach beagan mhionaidean. Fhuair an teine greim orm an uair a bha mi 'cath ris an fhathach. Cha tachradh so idir dhomh nan d'thug mi an aire do 'n t-silean mu dheireadh de 'n fhras a bh' anns an ubhaill, agus gu'n d'ith mi e, mar a dh'ith mi an corr, an uair a bha mi an riochd, coilich. B' e sid an dara riochd mu dheireadh anns an robh comas aig an fhathach air e fhein a chur. Ach o 'nach d' rinn mi so 'na am b' eiginn domh feuchainn ris a chath a chur le teine, mar a chunnaic sibh. A dh' aoindeoin cho cumhachdach 's cho fiosrach 's gu'n robh am fathach, leig mise fhaicinn da gu'm b' aithne dhomh barrachd air na b' aithne dha. Thug mi lan-bhuaidh air, agus loisg mi e; ach cha'n 'eil e 'n comas dhomh a nis am bas a sheachnadh."

Bha 'n rìgh fo mhor dhoilghios an uair a chuala e na briathran so. "Mo nighean," ars' esan, "tha thu 'faicinn gu'm bheil d' athair ann an droch staid. Ochan! is iongantach gu'm bheil mi fhathast beo! Tha'n caillteanach marbh, agus tha 'm prionnsa a shaor thu o'n draoidheachd an deis a shuil dheas a chall."

Bha e cho lan de bhron 's nach b' urrainn da an corr a radh. Thoisich e ri sileadh nan deur gu frasach. An uair a chunnaic

[TD 83]

[Vol. 6. No. 11. p. 3]

mise agus a nighean an staid mhuladach anns an robh e, cha b' urrainn duinn gun teannadh ri gul 's ri caoidh maille ris.

An uair a bha sinn mar so 'nar triuir a' gul 's a' caoidh, ghlaodh nighean an rìgh, "Tha mi 'losgadh! Tha mi 'losgadh!" Thug i an aire gu'n robh an teine a bha 'g a caitheamh as an deis greim fhaighinn air a collainn gu leir. Bha i 'sior ghlaodhaich, "Tha mi losgadh!" gus an do chaitheadh as i mu dheireadh. Ann am beagan mhionaidean bha i 'na torrardan luathadh mar a bha 'm fathach.

Cha ghabh e innseadh am bron 's an t-uamhas a chuir an sealladh so orm. B'fhèarr leam gu mor a bhith 'nam mhoncaidh fad uile laithean mo bheatha na mo bhanacharaid, chaoimhneil fhaicinn a' basachadh anns an doigh ud.

Bha 'n rìgh fo dhoilghios agus fo bhron gun choimeas. Bha e 'glaodhaich agus a' gabhail dha fhein anns a' cheann gus an do thuit e mu dheireadh ann an neul. Thug an luchd-frithealaidh leotha e, agus ann an uine gun bhi fada, bha e air chomas bruidhinn a dheanamh. Cha robh aobhar dhomhsa no do 'n rìgh fath a' bhroin 's a' mhulaid anns an robh e innseadh. Dh' fhoghnadh dhaibh sealltainn air

an da thorradan luathadh a rinneadh de'n fhathach agus de nighean an righ, agus thuigeadh iad mar a thachair.

Sgaoil an naigheachd muladach air feadh a' bhaile ann an uine ghoirid, agus bha 'n sluagh gu leir fad sheachd laithean fo bhron air son mar a thachair do nighean an righ.

Bha 'n righ fad mhios air an leabaidh le bron an deigh bas a nighinn. Mu 'n gann a dh'fhas e laidir gu leor chuir e fios ormsa. An uair a chaidh mi far an robh e 's a thug mi umhlachd dha mar a bha dligheach dhomh a dheanamh, thuirt e rium:—"A phrionnsa, thoir an aire mhath do na bheil mi gus a radh riut. Mur dean thu mar a dh' iarras mise ort, caillidh tu do bheatha g' a chionn. Bha mi 'n comhnuidh a caitheamh mo bheatha gu sona, agus cha d'thainig mi-fhortan riamh 'na mo rathad. Ach dh' fhalbh mo shonas gu buileach ri linn thusa 'tighinn 'nam rathad. Tha mo nighean marbh tha 'm fear a bha 'toirt an aire dhi marbh, agus is gnothach miorbhuileach gu'm bheil mi fhein beo fhathast. Is tusa bu mathair-aobhair do gach mi-fhortan a thainig 'nam rathad. Air an aobhar sin bi falbh Gun dail ann an sith, oir bidh mi fhein marbh ma dh' fhanas tu ni 's fhaide. Tha mi deimhin gu'm bi mi-fhortan anns gach aite am bi thu. Cha 'n eil an corr agam ri radh riut. Bi falbh, agus thoir do cheart aire nach tig thu gu brath air ais do mo rioghachd, ma thig caillidh tu do bheatha ris.

Bha mi 'dol a labhairt, ach cha leigeach e leam aon fhacal a radh. Mar so b' eiginn domh falbh as an luchairt. Bha mi gun mheas, gun chliu, gun chuideadh, gun chairdean, agus cha robh fhios agam co an taobh air an tugainn m' aghaidh. Mu 'n d' fhalbh mi as a' bhaile thug mi dhìom an fheusag, lom mi mo mhalaidhean, agus chuir mi uman eideadh caladair.

An uair a ghabh mi mo thurus as a' bhaile, bha mi gle mhuladach, cha b' ann a mhain air son mar a dh' eirich dhomh fhein, ach gu sonruichte air son mar a dh' eirich do'n da bhana-phrionnsa a fhuair am bas air mo shailleamh.

Choisich mi troimh iomadh duthaich gun duine 'g am aithneachadh. Mu dheireadh shuidhich mi gu 'n tiginn gu ruige Bagdad, ann an dochas gu 'n gabhadh an righ truas dhìom an uair a dh' innsinn dha a h-uile mi-fhortan troimh 'n deachaidh mi. Thainig mi do 'n bhaile air an fheasgar so fhein, agus b'e an caladair so, ar brathair, a' cheud duine a choinnich rium. Tha fhios agaibh mar tha air a' chuid eile de m' eachdraidh, agus cia mar a fhuair mi de dh' urram a bhith an so a nochd maille ribh.

(Ri leantuinn.)

NA BEANNTAICHEAN GORMA.

(An Gaidheal, 1877.)

Dh' fhuirich e 'n so fad na h-oidhche, 's cho luath 's a thainig a'

mhaduinn dh' éirich e gu falbh. Thubhairt an seann-duine ris nach deachaidh e 'chadal fad na h-oidhche ach a' dol tre 'n leabhar, agus nach robh guth air na Beanntaichean Gorma ann. "Ach innsidh mi so dhuit," ars esan "ma tha an leithid de àite idir air an talamh, tha brathair agamsa naoi ceud mìle á so, agus ma tha fios aig neach air an t-saoghal c'àite am bheil iad, tha fios aigesan air." Thubhairt an t-Eirionnach nach tigeadh an latha a choisicheadh esan naoi ceud mìle, gu 'n robh an t-each air toirt thairis a cheana.

"Coma," ars an seann duine, "ni mi na 's fhearr na sin riut, cha'n eil agam ach fhìdeag a sheinn, agus bithidh tu aig tigh mo bhràthar mu 'n tig an oidhche."

Sheinn e an fhìdeag 's cha robh fios aig an Eirionnach ciod e an talamh air an robh e gus an d' fhuair e e-fhéin aig dorus an t-seann-duine eile. Thubhairt an seann duine so ris gu 'n robh trì cheud bliadhna o'n nach fhac e duine gus am fac e esan.

"Innis domhsa c'àite am bheil thu 'dol?"

"Tha mi," ars an t-Eirionnach 'dol a dh' fhiachainn am faigh mi neach a dh' innseas dhomh c' àite am bheil na Beanntaichean Gorma."

"Ma dh' fhanas tu agams' a nochd," ars an seann-duine, "tha leabhar-eachdraidh an t-saoghail agam, agus bidh fios agam fo latha c' àite am bheil iad ma tha an leithidean ann."

Dh' fhuirich e ach cha robh guth 's an leabhar mu 'n déighinn. An uair a chunnaic an seann-duine cho duilich 's a bha e, thubhairt e ris gu 'n robh bràthair aige-san naoi ceud mìle air falbh, agus ma bha fhios aige ri fhaotainn bho neach a bha beò mu 'n timchioll 's ann uaithe-san; agus bheir mise ort gu 'n ruig thu an t-àite 's am bheil e mu 'n tig an oidhche. Sheinn e an fhìdeag; agus 's amhuil mur b' fhior, ràinig e 'am beul na h-oidhche.

An uair a chunnaic an seann duine e, thubhairt e ris nach fhac e sròn duine o chionn trì cheud bliadhna; "agus," ars' esan, "'s mor an t-iongantas a tha orm gu'm bheil mi 'g ad fhaicinn fhéin a nis. C'àite am bheil thu 'dol?"

"Tha mi," ars an t-Eirionnach, "air falbh ag iarraidh nam Beanntaichean Gorma."

"Nam Beanntaichean Gorma!" ars an seann duine.

"'S eadh," ars an t-Eirionnach.

"Cha chuala mi ainm riamh orra. Ach ma tha an leithidean ann bithidh fios agamsa air. Is mise maighistir a h-uile eoin a th' air an t-saoghal, agus cha 'n eil agam ach fhìdeag a sheinn, agus cha 'n eil eun 's an ealtuinn nach tig h-ugam, agus bheir mi air a h-uile fear innseadh co as a thainig e, agus ma tha dòigh air na Beanntaichean Gorma fhaotainn a mach 's i sin i."

Sheinn e 'n fhìdeag, agus ma sheinn, thòisich eunlaith an t-saoghail air cruinneachadh. Bha 'n seann duine a' cur ceist air a h-uile eun riamh co as a thàinig e; ach cha robh a h-aon ann a thàinig as na Beanntaichean Gorma. An uair a ruith e orra uile dh' ionntaich e aon iolaire mhor a bha d'a dhith; agus b' iongantach leis nach d' thainig i. Cha b' fhada gus am fac e tùic mhor a' tighinn a bha 'cur dubhaidh air an speur. Bha 'n tùic a' teannadh air a lion beagan 'us beagan, agus co a bha ann ach an iolaire. An uair a thàinig i, throd an seann duine rithe, ag radh ciod e a bha 'g a cumail-se cho fad air deireadh.

"Cha b' urra mi g'a leasachadh," ars ise, "'bha corr 'us fichead urad astair agam r'a dheanamh 'sa bh' aig eun sam bith a thàinig 'an so an diugh."

"Co as a thainig thu?" ars an seann-duine.

"Thàinig mi as na Beanntaichean Gorma," ars ise.

"'S eadh," ars an seann duine, "ciod a tha iad a' deanamh 'an sin?"

"Tha iad," ars an iolaire, "a' deanamh deasail an diugh fhein air son banais nighean righ nam Beanntaichean Gorma. Tha ise nis os cionn thri bliadhna a' diùltadh pòsadh ri fear sam bith gus an toir i thairis nach tig am fear a thug o na geasan i. Cha 'n urrainn di fuireach na 's fhaide nise a chionn gur tri bliadhna an ceann latha a rinn i r'a h-athair a dh' fhanadh i gun phòsadh."

Dh' aithnich an t-Eireannach gur h-ann ris fhéin a bha i 'fuireach cho fada; ach cha robh comas aige air a' mhaith a dheanamh dheth. Cha b' urrainn da na Beanntaichean Gorma a ruighinn fhad 's bu bheò e, 's cha robh dùil ris. Chunnaic an seann-duine cho duilich 's a dh' fhàs e 's dh' fhaighn-

(Air a leantuinn air taobh 86.)

[TD 84]

[Vol. 6. No. 11. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an

aire nach sgrìobhadh ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 10 <eng>SEPTEMBER<gai>, 1897.

Litir a <eng>Priceville, Ont.<gai>

A CHARAID:—Bha coinneamh mhor aig “Mic na h-Alba” anns a’ bhaile so air an t-siathamh latha de mhios Ogust. Bha fiughar aca ri Maighstir Friseal, ard-cheann a’ Chomuinn gu òraid a thoirt seachad ann an Gàilig, ach gu tubaisteach cha d’ thainig e idir. Le sin thuit an crann air Dùghall Mac Gilleain urram a chur air a’ choinneamh le oraid mhor a thoirt seachad ann an Gàilig, agus bha i cho domhainn ri Beurla nam fianntan. Chuala mi aon ag radh nach e Gàilig chumanta th’ aig Dùghall idir, agus gu’m biodh e feumail do neach an leabhar sin ris an canar am “Foclair” a bhi aige ma bha e air son ’òraid a thuigsinn. Ach feumaidh sinn aideachadh gur am aig Dùghall a tha Ghàilig cheart, ’s nach ann aig an fheadhainn a bhios a’ fhaotainn coire dha chuid bhriathran domhainn. Faodaidh mi ainmeachadh gu bheil Dùghall cho math air an dannsa ’sa tha e air òraid a thoirt seachad; dhanns e ruidhle Ghàidhealach aig a’ choinneimh ud cho aotrom ’sa dheanadh ballach beag.

Bha mi ann am baile Durham o choinn latha no dha air ais, agus chuala mi an sin Mr. Peutan, am piobaire a thug a mach a cheud duais aig Feill mhor an t-Saoghail am an Chicago a’ bhliadhna roimhe. ’Se chuireadh an ceòl briagh air a phìob, agus cha’n iognadh sam bith leam fhéin e thoirt an urraim o gach piobaire eile bha feuchainn, Ach thuirt mi gu leòr air a’ cheann ud, agus theid mi gu rud-eigin eile.

Tha sinn aig an àm so gu trang ag obair air a bhuaib. Bha an t-side fuasach fliuch againn fad àm an fheadh, agus o’n thòisich sinn air a bhuaib. Tha ’n corca gle mhath agus an crithneachd foghair. Cha’n ’eil dad a dh’fheum anns a’ pheasair; bhuaib gaiseadh i mu ’n do lion i, agus ann am moran àiteachan cha’n fhiach i a bualadh. Tha’n dubhadh a’ tigh’nn air bàrr a bhuntàta, agus tha eagal air daoine gu’n tig an grodadh air, mar a thainig chionn choig bliadhna. Ach cha’n ’eil math a bhi gearain; cha’n eil ann ach fàiling a tha’m mac an duine—feumaidh e bhi gearain ’nuair nach bi e ri ni sam bith eile. ’S ann a’ gearain a thainig mac an duine stigh do ’n t-saoghal, agus ’s ann mar sin a dh’fhàgas e e.

Tha mi faicinn litrichean us eachdraidhean fada anns a phaipear gach seachdain a tha gle thaitneach. Feumaidh mi aideachadh nach do leugh mi an àireamh mu dheireadh a thainig ugam gu buileach, ach tha mi ’creidsinn gu bheil e cheart cho math ri càch. Chi mi gu tric litrichean beaga goirid air an cur a dh’ionnsuidh a phaipeir le

daoine a tha mi cinnteach a tha làn chomasach air barrachd a sgrìobhadh na'n deanadh iad an oidhearp. 'N am bharrail fhéin, cha chòir do dhuine a litir a dheanamh ro ghoirid, 'nuair nach sgrìobh e ach uair no dha 'sa bhliadhna. Tha moran dhaoine ann a tha coltach ri Domhnall Mor nuair a bha e aig a dhinneir anns an tigh-osda. Thainig an te a bha 'frithealadh a bhùird far an robh e agus dh'fheòraich i dheth co-dhiu a ghabhadh e feòil no iasg. Thionndaidh Domhnall mu'n cuairt agus thuirt e rithe, "Ma ta, a ghràidh, gabhaidh mise le chéil' iad." Sin mar a tha moran dhaoine; gabhaidh iad gach ni a gheibh iad. 'S math leotha daoine eile bhi cosg an sùilean a sgrìobhadh 'nuair nach dean iad fhéin ach gle bheag dhe'n obair sin. 'S math leotha iad fhéin a bhi 'nan tàmh agus càch a bhi 'g obair. Cha bhi ag radh a chorr aig an àm so. Slàn leibh. Is mi ur caraid dileas,

IAIN MAC ILLEASBUIG.
Ogust 30, '97.

Tha sgeòil a sior thighinn air pailteas an òir ann an Klondike; cha'n 'eil teagamh nach eil e na's pailte ann na fhuaradh ann an àite riamh roimhe. Ach tha mar an ceudna sgeul agus sgeul a thighinn air deuchainnean agus cunnartan na slighe, agus gu dearbh is eagallach iad. 'Se 'n duine glic a dh' fhanas aig a thigh gu earrach, o'n cha 'n eil dòigh air an t-àite ruigheachd re a gheamhraidh. Ach tha na miltean air an t-slighe cheana, agus faodaidh sùil a bhi ri iomadh teachdaireachd bhochd d'an taobh mu'n tig an samhradh s'a thighinn.

Chaochail fear Domhnall Mac Gilleain ann am Fionnphort, am Muile, air Di-haoine, an t-siathamh latha de dh' Ogust, an deigh dha aois ceud bliadhna 'sa tri a ruigheachd. Rugadh e an Dun-Uilleim. Thainig e do Mhuile o chionn tri fichead bliadhna 'sa deich air ais, agus bha e ann o'n uair sin, a' tuathanachas agns a' ceannachd. Bhuineadh e do 'n Eaglais Shaoir, agus bha e 'na eildeir anns an sgìre 'san robh e fuireach. Bha e na dhuine air an robh mor-mheas aig na h-uile chuir eòlas air.

Leugh na paipearan gasda a tha anns an àireamh so o "Chona" agus o "Gleann a' Bhaird."

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhabition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an

Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. Mac Fhionghain, Tailleair,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 85]

[Vol. 6. No. 11. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha sinn a' cluinntinn gu bheil na h-iasgairean air cladaichean a tuath an eilein a' glacadh moran ronnaich.

Faodar tòiseachadh air glacadh nan eisirean air a choigeamh latha deug dhe 'n mhios so-Di-ciaduin s'a tighinn.

Tha an trosg gu math gann air cladaichean Labrador air an fhoghar so. Tha e mu 'n treas cuid na 's lugha na bha e 'n uiridh.

Bidh ainmean na muinntir a phàigh anns an ath aireamh. Tha sinn an dòchas gu 'n tig àireamh mhor a stigh roimhe sin, air chor 's gu 'm bi àireamh mhath dhiubh ann.

Chaidh tri cheud barailte de dh' ùbhlán a chur a null gu Lunnainn á Montreal air an t-siathamh lotha fichead de 'n mhios a dh' fhalbh. B'e so a' cheud luchd ùbhlán a chuireadh air falbh á Canada air an fhoghar so.

Chaidh banc a robaigeadh ann on Napanee, an Ontario, air an t-seachdain s'a chaidh. Thainig na robairean bhar crìoch nan Stàitean agus fhuair iad a dhol air ais gun an glacadh. Thug iad leotha da mhìle dheug air fhichead dolair.

Tha an <eng>Sydney Field Battery<gai> air a campachadh air rudha nam <eng>barracks<gai> air an t-seachdain so. Bidh iad ann gu deireadh na seachdain s'a tighinn. An uiridh cha do champaich iad idir, agus thatar a deanamh suas a challa sin dhaibh am bliadhna.

Tha sgìreachd de dhaoine dubha, mu naodh no deich de mhiltean á <eng>Halifax,<gai> anns nach robh sgoil o chionn iomadh bliadhna. Chaidh an tigh-sgoile a bh' aca 'na theine, agus cha deachaidh tigh ùr a thogail fhathast Tha aig a chloinn òg ri fàs suas gun ghuth sgoile.

Fhuair eadh corp Chaiptein Eanruic <eng>Arkwright<gai> anns an deigh faisg air <eng>Mont Blanc,<gai> an <eng>Switzerland,<gai> an la roimhe. Chaidh <eng>Arkwright<gai> agus triuir eile a mharbhadh le beum-sleibhe o chionn aona bliadhn' deug air fhichead air ais; fhuair eadh cuirp chach aig an àm ach bha a chorp-san anns an deigh fad na h-ùine sin.

Tha an t-side o chionn dha no trì lathaichean air fàs gu math fuar, gle choltach ri deireadh an fhoghair. Cha 'n eil ach ùine ghoirid o'n bha sinn a' gearain air cho fadalach 'sa bha blàths an t-samhraidh ann an tighinn, agus a nise bidh sinn a gearain air cho luath 'sa tha 'm blàths a falbh. Cha 'n fhada nise gus am bi an geamhradh againn.

Cha 'n eil am <eng>Viscomte de Fronsac,<gai> air an d' thug sinn iomradh roimhe mar fhear a bha 'g agairt coir air Nobha Scotia, ag iarraidh de 'n fhearann ach a chuid sin a tha 'na fhearann crùin, agus tha e dol a dheanamh greim air sin an ùine gun bhi fada. Ma gheibh e am fearann sin tha e dol air ball a chur luchd-àiteachaidh air, agus togaidh e aitreabh ghreadhnach dha fhéin. Cha 'n eil a chuid mhor a toirt moran geill d'a agartas ach tha cuid ann a tha dhe 'n bharaill gu'm faod e dragh nach beag a chur air riaghladh na mor-roinne.

Tha muinntir na Gàidhealtachd a cur mu dheibhinn am Biobull eadar-theangachadh gu Gàilig as ùr. Tha 'n t-Ollamh Mac Fhionghain an Duneideann agus an t-Urr. Dr. Mac Gilleain an Glascho air dithis dhoibhsan a gu dhol ris, agus tha iad a' cur rompa an obair a dheanamh gu math. Bith am Biobull ùr air a chur an clò an ceann beagan us bliadhna'. Tha dùil gu'm bi an t-eadar-theangachadh ùr moran na's fhearr na 'n t-eadar-theangachadh a rinneadh roimhe, ged a tha sin air a mheas le àrd-sgoilearan gu math air thoiseach air a' Bhiobull Bheurla.

Tha 'n grodadh gle dhona anns a bhuntàta an New Brunswick, agus ann an iomadh àite tha 'n corca air a mhilleadh leis an uisge.

Tha Niall Mac-Illemhaoil, à <eng>Eureka, California,<gai> air an t-seachdain so ann an Sidni a' choimhead air a chàirdean. Tha Mr. Mac-Illemhaoil na fhear-cuideachaidh aig a' phost-mhaighstir ann a <eng>Eureka.<gai>

Tha Diùc agus Ban-Diùc <eng>York<gai> an dràsda 'cur cuairt air Eirinn, agus tha 'n sluagh a' cur failte chridheil orra. An deigh dhaibh tilleadh á Eirinn, tha iad a' dol a chur cuairt air Alba, far an deanar am beatha cheart cho math.

Tha an crithneachd agus an corca gle mhath air Eilean a' Phrionnsa air an fhoghar so. Tha bàrr eile gle mhath cuideachd, agus buntata. Tha na h-ùbhlan fad air ais; cha 'n fhaighear ach mu pheice far am faighte barailte an uiridh.

Cha 'n fhada nise gus an atharraichear àm falbh us tighinn a' charbaid-iaruinn. Cha 'n eil fhios fhathast de 'n t-àm de 'n latha a bhios an carbad a fàgail Shidni, ach tha dòchas againn nach bi e falbh cho fìor thrath 'sa mhaduinn 'sa bha e geamhraidhean roimhe.

Bha coinneamh cléire ann am Baile-nan-Gall toiseach na seachdain s'a chaidh, agus bha gairm o choithional Ghrand River air a chur air beulaobh an Urr. Iain Friseal Tha coinneamh gu bhi aig a' chléir ann

an Sidni Tuath deireadh a' mhios, aig an innis Mr. Friseal co-dhiu ghabhas no nach gabh e ris a' ghairm.

Faisg air <eng>St Andrew's, N. B.,<gai> bha fear Seumas <eng>Mc Shane<gai> air a mharbhadh le tarbh, a sheachdain gus an Di-sathairne s'a chaidh. Chaidh e mach a chur a bheothaich air teadhair, agus thionndaidh e air, agus an deigh dha a mharbhadh lean e air gabhail dh'a chorp gus 'n do loisgeadh air 's an deach a mharbhadh. Bha <eng>Mc Shane<gai> tri fichead bliadhna dh' aois.

Tha am fiar anabarrach math air taobh tuath an eilein air an fhoghar so. Tha moran de na tuathanaich aig nach robh uiread feòir o chionn iomadh bliadhna. Tha an corca 's gach bàrr eile gle mhath mar an ceudna. Ged a tha e doirbh airgead a dheanamh air im no ni sam bith eile tha iad a' creic, tha e gle chinnteach nach bi gainne sam bith anns an dùthaich air a bhliadhna tha tighinn.

Chaochail fear Iain Camaran, mac do Sheòras Camaran am <eng>Broad Cove Banks,<gai> anns an ospadal am baile <eng>Minneapolis,<gai> o chionn ghoirid. O chionn da bhliadhna, thachair sgiorradh dha 's e 'g obair air carbad-iaruinn, agus b' fheudar a dha chois a ghearradh dheth. An deigh dha dhol beagan na b' fhearr, thug cuideachd an rathaid-iaruinn da mhile dolair dha agus fhuair iad obair eile dha, obair ris an robh e gu àm a bhàis. Bha e na dhuine air an robh fìor chliù. Thatar a toirt a chuirp dhachaidh, agus bidh e air a thiodhlacadh ri taobh athar, a chaochail o chionn ghoirid.

Chaidh fear Tearlach Bowman a mhort, ann an Tracadie, faisg air Antigonish, oidhche Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh. Chaidh an gnìomh a dheanamh le fear Henry Davidson. Bha an dithis an cuideachd a chéile a chuid bu mhotha dhe 'n latha, agus <eng>picnic<gai> a' dol air adhart. 'Nuair a thainig an oidhche, chaidh Bowman agus fear eile dhachaidh le Davidson, a bha air an daoraich. Chaidh iad a stigh comhla ris, agus an deigh a chur a thàmh air son na h-oidhche mar a shaoil iad dh' fhalbh iad. Air dhaibh an dorus a dhunadh 'nan deigh, loisg Davidson orra le gunna, agus chaidh Bowman a bhualadh leis an urchair. Cha robh e beò ach uair an deigh losgadh air. Tha Davidson anns a' phrìosan. Tha e 'gabhail air nach eil cuimhne sam bith aig air an urchair a losgadh.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.30

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte. Sgrìobh gu
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!
THIG AGUS FAIC!
Ceannachd ur us Prìsean ura.
A h-uile ni cho soar 's nach fhaod mi innse.
Niall Domhnullach.
Ceann an Iar a Bhaile.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 86]

[Vol. 6. No. 11. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 83.)

eachd e de 'n iolaire cìod a ghabhadh i agus am fear so a thoirt air a muin gu ruig na Beanntaichean Gorma.

"Gu ruig na Beanntaichean Gorma?" ars ise.

"'S eadh," ars an seann duine.

"Gabhaidh mi," ars ise, "tri fichead mart air am marbhadh, agus àithean a dheanamh dhiubh; agus a h-uile uair a bheir mise sùil air mo ghualainn tilgidh esan àith 'nam bheul."

An uair a chuala an t-Eirionnach agus an seann duine na dh' iarr i

dh' fhalbh iad a shealg, agus mu 'n d' thàinig an oidhche bha tri fichead mart aca air am marbhadh. Rinn iad àithean diubh mar a dh' iarr an iolaire, agus an sin thubhairt an seann duine rithe i 'dheanamh laidhe gus an càireadh iad air a muin iad a lion àith 'us àith. Rinn an iolaire laidhe agus thòisich an seann duine agus an t-Eirionnach air cur suas na feola air druim na h-iolaire. B'éudar dhoibh an toiseach ceithir ceumannan deug fàraidh fhaighinn leis am b' urrainn doibh dìreadh air druim na h-iolaire, agus chàirich iad an fheòil cho maith 'sa b' aithne dhoibh. Thubhairt an seann duine ris an Eirionnach e 'ghabhail suas air a druim agus e 'chuimhneachadh e thilgeil ceithreamh feòla g'a h-ionnsuidh a h-uile uair a bheireadh i sùil air a gualainn. Ghabh e suas agus thug an seann duine òrdugh do 'n iolaire i 'bhi 'falbh. Dh' fhalbh i 's a' mhionaid agus a h-uile sùil a bheireadh i air a gualainn thilgeadh an t-Eirionnach ceithreamh feòla 'n a beul.

An uair a bha i a' teannadh faisg air crìochan Rìoghachd nam Beanntaichean Gorma, theirig an fheòil, agus sùil dh' an d' thug ise air a gualainn cìod an obair a bh' aig an Eireannach ach a' cur na cloich eadar barr a h-earabuill agus a h-amhaich! Chuir i làn char dhith fhéin agus tilgear an Eir- do 'n fhairge. C'àite an do thuit e ach anns a' bhaigh a bha dìreach mu choinneamh tigh an rìgh. Fhuair gu fortanach barran òrdagan a chas greim air a' ghrunnd, agus dinnear e fhéin air tìr.

An uair a chaidh e suas bha sràidean a' bhaile a' lasadh le solus, 's banais nìhinn an rìgh gu tòiseachadh. Chaidh e stigh do 'n cheud tigh a thachair air; 's cìod an tigh a bh' ann ach tigh cailleach-nan-cearc aig an rìgh. Dh' fhaighneachd e de 'n chaillich cìod am fuaim 's an solus a bha 's a' bhaile mar sid. "Tha," ars ise, "nìghean an rìgh a' dol a phòsadh a nochd 'an aghaidh a toile, agus dùil aice a h-uile latha gu 'n tig am fear a thug bho na geasan i." "So dhut gini," ars esan, "agus falbh 's thoir 'an so i." Dh' fhalbh a' chailleach, agus cha b' fhada gus an do thill i 's nìghean an rìgh comhla rithe. Dh' aithnich i fhéin agus an t-Eirionnach a cnéile, agus phòs iad 's rinn iad banais mhor, ghreadhnach, aighireach, a mhair latha 's bliadhna!

Na Gaidheil ann an Canada.

Le gairdean treun, le dochas laidir, agus le cruadal sonruichte, choisinn na Gaidheil, ma ta, aite measail doibh fein anns an dùthaich ùr so. Ged dh' fhag moran diubh an tìr anns an d' rugadh iad le crìdheachan muldach, bha aobhar aca ann an uine ghearr a bhi taingeil gu 'n d' thainig iad do Chanada; far am bheil Cothrom na Feinne aig gach duine 'ghluaiseas gu stuama, sìobhalta, dìchiollach. Nam fanadh iad ann an tìr an fhraoich, cha bhitheadh fardach seasmhach aca; cha bhitheadh dachaidh aca doibh fein gun chis, gun mhal, gun chomain do thighearna no uachdaran air bith; cha bhitheadh an sonas agus an soirbheachadh co maith agus co tlachdmhor 's a tha iad. Is ann le spairn anabarrach, 'us le durachd dìongmhalta 'gheibh sinn nì maith air bith, agus a nì sinn gnìomh euchdail anns an t-saoghal so. Ma b' eiginn do mhoran de na Gaidheil aig nach robh

maoin no storas, deuchainn fhulaing ann a bhi gearradh sios nan craobh agus ann a bhi 'glanadh an fhearainn agus ann a bhi togail tighean anns an gabhadh iad fein agus an teaghlaichean comhnuidh; gun teagamh tha moran aca r'a nochdadh airson an dicholl agus an saothreach. Tha pailteas 'n an dachaidhean; is leo fein an tighean agus na bailtean a tha air an ainmeachadh orra. Le beannachadh an Tighearna tha iad neo-eisimealach, agus faodaidh iad cinnte 'bhi aca nach bi uireasbhuidh ri fhaireachduinn, re an làithean anns an t-saoghal. O'n bha agus o'n tha na Gaidheil ann an Canada co tapaidh, co durachdach, co gaisgeil, agus co aghartach, cha 'n eil ioghnadh air bith gum bheil iad beartach, agus gu bheil iad eolach agus eifeachdach anns gach deanadas agus obair 'us oidheirp a bhuineas do Chanada gu leir. Tha na Gaidheil mor, measail, am measg marsantan ar dùthcha, 'us tha moran Gaidheil air an roghnachadh airson aite ghabhail ann am parlamaidean ar dùthcha. Tha moran Gaidheil 'tha faoilidh le 'n airgiod, a' deanamh maith moir. Ach gu de 'tha Gaidheil bheartach Chanada 'deanadh airson an canain, no airson ainm, 'us cliu, 'us abhaistean nan Gaidheal a chumail suas, agus comhnadh 'us cuideachadh a thabhairt doibhsan a tha cosmhnail ri MAC-TALLA, proiseil mu dheibhinn nan Gaidheal, agus iarrtuiseach air eachdraidh 'us beusan nan Gaidheal a chumail daonnan ann an doigh ghasda fa chomhair an t-saoghail gu leir. Thana Gaidheil Albannaich easgaidh gach àm ann a bhi 'g radh gu bheil na h-Eirionnaich tuasaideach, feargach, lan mi-riaghailt 'us aramach. Fhuair na h-Eirionnaich iomadh aobhar a bhi 'g radh agus a' creidsinn gu robh eucoir mhor air a dheanamh orra leis na Sasunnaich. Tha cridheachan caoimhneil, carthannach aca, 's an uair a nochdar fìor-chaoimhneas doibh, cha 'n eil air uachdar an domhain, daoine 's modha blaths 'us cairdeis na iadsan. Anns na Staitean agus am measg ar coimhearsnaich, tha moran Eirionnaich. Tha iad dileas dochanain an sinnsirean, agus tha iad a' teagasg an canain ann am bailtean mora nan Stàitean. Anns an oil-thigh Phapanach a tha 'nis aig tus a chuairt ann am baile mor nan Stàitean, tha cathair air a steidheachadh airson foghlum a thoirt ann an canain, ann an eachdraidh, agus ann an abhaistean aosmhor Eirinn agus nan Eirionnach. Thug mar an ceudna Eirionnach blath-chridheach suim mhor airgid seachad airson eolais a thabhairt ann an oil-thigh Iain Hopkins ann am Bail-ti-mor, do gach neach aig am bheil iarrtus air canain Eirinn ionnsachadh. Am bheil Gaidheil Chanada 'tabhairt beagan no moran de 'n sauibhreas do gach oidheirp dhileas a tha MAC-TALLA 'deanamh airson na Gailig a chumail suas, agus meas 'us muirn 'us urram a chur agus a charamh air gach ni 'tha Gaidhealach agus a tha comasach air speis 'us tlachd 'us toileachas a dhusgadh anns gach cridhe tha faireachduinn fola bhlaith nan Gaidheal ann. Is muladach an sgeula tha ri innseadh oir is e so 'n fhirinn, nach eil Gaidheal thall no bhos, an ear no 'n iar, a thug fathast beag no mor de airgiod no òr a chum na Gàilig a theagasg no muirn a nochdadh dhi anns an dùthaich so, far am bheil iomadh canain air a labhairt, agus far am bheil Sasunnach agus Frangach a tabhairt moran tuille airson an daoine 's an canain na thug na Gaidheil riamh fhathast ann an Canada. B' olc an aire nach b' urrainn iomadh Gaidheal feineil beartach, Sasunnach a dheanamh de fein air ball, oir is ann do gach fine ach na Gaidheal a tha e 'tabhairt a ghraidh 's a chomhnaidh. Tha MAC-TALLA airidh air cliu 's taingealachd mhor, 'us dhileas. Bu

choir do MHAC-TALLA cairdeas, 'us cliu, 'us cuideachadh, gach Gaidheil ann an Canada fhaotainn agus a mhealltuinn, gu toileach, aghartach, fiughanta. Is maith a gheibhear MAC-TALLA 'us an Gaidheal dileas, tapaidh, a tha 'g a chumail an ordugh. Bu choir do gach Gaidheal an Canada lamh chairdeil a shineadh do MHAC-TALLA: us caoimhneas airidh a nochdadh dha 's fhadadh suas am measg a chairdean air gach taobh.

CONA.

Litir a Eilein <eng>Wight.<gai>

Fhuair mi litir an de bho Thearlach Mac Gilleain, Seanailear anns an arm Bhreatunnach. Tha i air a sgrìobhadh ann an Gaidhlig, agus bho nach eil nithean diomhair sam bith innte bheir mi seachad i facal air an fhacal:

<eng>ISLE OF WIGHT, 20th August, 1897.<gai>

MO CHARAID GRADHACH,—Thainig bhur litir agus na paipearan, agus moran taing dhuibh air an son. Cha 'n urrainn mi moran a sgrìobhadh gu 'r n-ionnsuidh an drasd. Chaill mi mo mhac anns na h-Innsean, mar a bhios fios agaibh bho na paipearan. Thug Dia air falbh e, ach thuit e le urram air blar a chatha. 'S fearr leam mo litir bhronach a sgrìobhadh ann an cainnt mo dhùthcha gu neach a tha fios agam a

[TD 87]

[Vol. 6. No. 11. p. 7]

bhios duilich air mo shon. Cha 'n urrainn mi tuilleadh a radh.

TEARLACH MAC-GILLEAIN.

Nuair a leugh mi an litir cha b' urrainn mi gun a bhith smaointean air na facail mhuladach, chaill mi mo mhac. B'e deireadh na cuise gun do gnìac mi mo pheann agus gun d' fheuch mi ris an litir a chur ann am bardachd. So mar a chaidh leam:

ORAN BROIN.

Tha mo chridh' an diugh brònach,
Dh' fhalbh mo shòlas air sgéith bhuam.

Tha mi trom 's tu gam dhìth,
'Ille ghrinn, bheusaich;
Tha mi trom 's tu gam dhìth.

Thuit mo mhac, mo mhac àillidh,
Anns a bhlar fo throm chreuchdan.

Thuit an t-òganach aoibheil,

Cridh' a chaoimhneis 's na féile;

Lamh na gaisge 'sa chomhstri,
'S ceann an eolais 's na leirsinn.

Leam bu taitneach do dhoighean,
'S b' ard mo dhòchas mu d' dheibhinn.

Bu tu dealbh an t-sar shaighdeir,
'S tu gun fhoill ann ad chreidbhaig.

Cha dig litir, mar 'b' àbhaist,
Bho d' laimh chairdeil le sgeul ort.

Is cha 'n fhaic mi ri m' shaoghal,
Do ghnuis aobhach, chiuin, cheutach.

'S fada bhuainn tha na fòidean
A tha còmhdach do dhéile.

Bho do ghluasad mar dh' iarrainn
An cath iargalt' nan geur-ghath.

Bha thu dilees do d' chairdean,
'S bha thu dàn ri uchd deuchainn.

Thuit thu 'n aobhar do dhùthcha,
'Cur luchd-spuinnidh fo gheill d'i.

Thuit thu, Eachainn, fo urram,
Mar a bhuineadh do threunfhear;

Is do dh' fhiuran de 'n cinneadh,
Nach d' fhuair innisg an teugmhail.

'Se an Ti a tha riaghladh,
'Sa b'fhear 'dion anns gach ceum dhomh.

A thug bhuan mo mhac gradhach,
Ann an araich an reubaidh.

Bidheam striochdte, mar 's còir, dha.
Biodh mo dhòchas gu leir ann.

Tha mo ghruaidhean a seacadh,
S tha mo neart ga mo threigsinn.

'S gearr an uine 's an gluais mi,
'N déidh na bhuanach an t-eug bhuan.

Rugadh Eachann ann am bùth air cnoc <eng>Shekh<gai> an ceann tuath nan Innsean, far an robh an reiseamaid san robh athair, anns an bhliadhna 1870. Bha e na oifigeach ann an reiseamaid ris an abrar na

<eng>Guides,<gai> no na Treoraichean. Tha 'athair na fhior Ghaidheal, na sheanailear measail, agus na dhuine gasda.

Nach mor an dealachadh a tha eadar duine uasal aig a bheil tùr agus ablach suarach gun toinisd! Tha Beurla agus Hindustani gu leoir aig an t-seanailear Mac-Gilleann, gidheadh cha'n fheil nàir air litir a sgrìobhadh ann an Gaidhlig. Nan tachradh dha tuiteam ann am blàr, 'se 's dòcha gu'm biodh uirnich dheireannach, mar a thachair mu Iain an Fhasaidh-Fhearna, air a cur a suas anns a chainnt a theagaisg, a mhàthair Bha 'n Seanailear Mac-Gilléain 's na h-Innsean, <eng>China, Afghanistan,<gai> is <eng>Persia<gai> bho 'n bhliadna 1854, gu 1892, agus cha do chaill e a Ghaidhlig. Tha cuid de dhuine ann a chailleas i ann an da bhliadhna, ach cha 'n fheil iad sin nan Seanailearan, agus gu fortanach cha bhi. 'S trom an éire an t-aineolas.

GLEANN-A-BHAIRD.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

CARADH
Uaireadairean
Glanadh, \$0.50
<eng>Mainspring,<gai> .60
An da chuid, 1.00
<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.
<eng>Baddeck, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.

Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 88]

[Vol. 6. No. 11. p. 8]

Laoidh na Beatha.

Na h-innis dhomh am briathran dubhach,
Nach 'eil 'n ar beath' ach brудар faoin,
Oir tha 'n t-anam marbh a chaidleas,

'S cha'n 'eil nithe mar a shaoil.

Tha ar beatha anabarr sòlaimt',
'S cha'n i 'n uaigh fhuar crìoch ar saogh'l;
"Is duslach sibh 's gu duslach pillidh,"
Cha dùbhradh riamh ri anma dhaoin'.

Cha'n i toil-inntinn 's cha'n e mulad,
Ar crìoch àraid no ar ràth'd;
Ach bhith dèanamh chum gach latha,
Gum bi ar maitheas 'dol am meud.

Tha ealdhain lìonmhor 's ùine siubhal,
'S ged robh 'n cridhe fearail, tréun;
Cha'n 'eil ann ach druma-mhulaid,
'Bualadh corranach an éig.

Ann am faiche 'n t-saogh'l fharsaing,
Ann an camp na beatha fhìor;
Na bi mar ainmhidh balbh gun toinisd;
Bi ad ghaisgeach anns an strìth.

Na cuir earbs' an gearn ri tighinn,
'S na bi caoidh na h-ùine 'thréig;
Dèan, O dean 's an àm a th' agad,
Fo cheannsal Dhé le cridhe tréun.

Tha beatha dhaoin-mór' 'g ar teagasg,
Gum faod sinn uile strìth ri éuchd;
Is air dhuinne siubhal dhachaidh,
Céuma fhàgail as ar déigh.

Céuma theagamh, chì neach eile,
Air a thuras troimh an t-saogh'l;
Bràthair bochd 'tha call a mhisnich,
'S gum faigh e spiorad ùr d' an taobh.

Bìomaid suas, ma tà, 's ag obair,
Le crìdh' gun gheilt roimh chruas an t-saogh'l,
A' sior bhuidinn 's a sior leantainn,
'Fòghlum foighidinn is saoth'r.

Oran Gun Duais.

AIR FONN—"Ruidhlidh na Coilich Dhubha."

Na'm biodh caileag agam fhìn
Sìomhalt bu mhath leam i;
Fhad 's a dh' fhanadh i rium bìth,
Bhithinn rithe bàigheil.
Is neònach an rud a th' ann,
An-tlachd air banasgail,
Is ceòlar an rud a th' ann,

Brioguisen air pàistean.

Ma shaothraicheas tu thar o chòir
'S dògh gun tig fallus ort;
'S ma theid thu domhain anns an òl,
Ni thu bròn am màireach.
Is neònach an rud a th' ann,
Fang mu na boirionnaich;
Is neònach an rud a th' ann,
Galar a' bhuntàta.

Féumaidh mnathan uaisle ti,
'S dìth e mur faigh iad sin,
Ach fèumaidh iad barrachd mar rith'
'S aran, ìm, 'us càise.
Is neònach an rud a th' ann
'N sannt th' air na caileagan
'Bhi seang uile mun a chneas
'Us tomult mu na màsaibh.

'H-uile fear a bhios gun mhnaoi
Chaidh cha bhi piseach air,
'S bòidheach an sealladh mart laoigh
'S coiseachan a' bà rith'.
'S neònach an rud a th' ann,
Clann aig na deireasaich,
Is neònach an rud a th' ann,
Bradain 'bhi 'gan àrach.

Ged tha 'gealach fada, shuas,
'S suarach an t-astar e.
Nitear inneal dhuinn gu luath,
'Bheir a nuas i lamh ruinn.
Is neònach an rud a th' ann,
Frangaich 'us Sasonnaich
Do'm b' àbhaist a cheile 'sgrios
A bhi nis' 'an càirdeas.

Nian bodaich d'am bi nì
'S cinnnt' gu'm bi farraid oirre,
'S nian caillich bhios gu tinn
'S cinnnteach gheibh i sàrach.
Is neònach an rud a th' ann,
Bantrach gan mhearachas,
'S neònach an rud a th' ann,
Banarach gun bhlàthaich.

Bheir mi taisdeal thar a' chuan,—
Buailidh mi 'Chanada,
Ged a tha e fada uainn
'S duaismhor e gu h-àiteach.
Is neònach an rud a th' ann,
Gleanntan ar n-ath'richean
Aig caoraich a bhi fo reachd,

'Us feachd nan cabar stràiceil.

'H-uile fear aig am bi sluagh
Buannaichidh arabhaig,
Ach 's beag cobhair ni an tréud,
'N uair a dh'éireas nàmhaid.
Is neònach an rud a th' ann,
Clann gun na ceannardan;—
Is neònach an rud a th' ann,
Dìmeas air na Gaidheil.

Ged a tha iad math 's an arm,
Garbh aig a'baile iad;
Molar iad fa'n glonn 'san ar
'S smaodar iad fa'n aiteach.
Is neònach an rud a th' ann,
Sannt air a' chonach sin;
Is neònach nach eil na Flath
A' deanamh rath no stath leis.

Ach, mar thuirt an Guth 's an spéur,
"Tréigidh an gineal so,
'S o'n nach d'imir iad le tùr
Thig siol ùr 'nan aite."
Is neònach an rud a th' ann,
Faisneachd 'ga coilionadh;—
'S neònach an rud a th' ann,—
'S fiù e aire araidh.

Oran so air rud sam bith,
Mar a shir a' Chuideachda,
'S c'iu a gheibh 's nach faigh e "duais"
'S uaibhreach air a' bhard e.
Is neònach an rud a th' ann
Teangairean ealanta;
Is neònach an rud a th' ann
Simileir gun fhardaich!

Chi thu sid mu dheas 's mu thuath,
'S truagh leat an sealladh e,—
Far an d' arosaich na Fir,
Gheibh thu nise 'm magan!
'S neònach an rud a th' ann,
Ganntar de sgoilearachd:
Is neònach an rud a th' ann,
Aineolas 'g a arach!

AN DA LEIGHEAS

AGUS<eng>

K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION—CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prìsean a's isle an coinneamh AIRGEID.

ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., <eng>Sept.<gai> 1, 1897.

[TD 89]

[Vol. 6. No. 12. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 17 <eng>SEPTEMBER, 1897. NO.
12.<gai>

Laoidh.

Ainm Immanuel chaoimh r' a luaidh,
'S mìlse e na rogha 'chiùil;
Is na bhreith, na bhàs, 's na thruaigh,
Cuiridh m' anam 'uile dhùil.

"Faigheadh Dia 's na h-àrdaibh cliù,"
Sheinn na h-ainglean aig a theachd;
Dhia, mo theanga gléus as ùr-
B' e mo chomain seinn, gu beachd!

Chum fo 'n lagh bhith gabhail 'àit'
An do nochdadh e 's an fheòil,

Air mo sgàth a' fulang bàis-
Is nach gluais mo bhèul gu ceòl?

Gluaisidh! moram 'ainm ro ghrinn,
Ged is diblidh, fann, mo luaidh;
Oir na 'n diùltainn-sa bhith seinn,
Dh' éigheadh 'mach na clachan cruaidh.

Ceanglam h-uile h-ainm is fheàrr-
Céile, Caraid, Slàn'ghear, Uan,
Grian is Sgiath, Fear-dìon is Brath'r-
Gràdh mo chridh' dhuit, sìorruidh, buan!

As na h-Eileanan Coille, E. P. I.

A CHARAID [?]-Tha mi a sgrìobhadh thugad aig an àm so a dh' innseadh dhuit gu'n d' thainig an caraid còir agus am fìor Ghàidheal air an tug mi iomradh anns an litir mu dheireadh a sgrìobh mi thugad, le 'ainm agus le 'dhollar gus mi a chur a dh' iarraidh a MHAC-TALLA dha fad bliadhna-agus ma's e do thoil e faigh ann am broinn na litreach so e, agus 'ainm 's a shloinneadh 's 'aite-còmhnuidh ann am Beurla chruaidh Shasunnaich. Tha mi an dòchas gu'n tig am paipear ga ionnsuidh cho luath 'sa bhios cothrom air, a chionn 'se am fìor Ghàidheal a th' ann. Mo bheannachd aige agus dha na h-uile gin de 'sheòrsa.

Cha'n eil moran do naigheachd agam an dràst is fiach a bhi ga aithris dhuit fein no do d' leughadairean còir, ach gu'm faod mi innseadh gu bheil luchd-tomhais an rathaid-iaruinn a ruith an tomhais gu trang eadar Baile Shearlot agus <eng>Murray Harbour.<gai> Tha iad an dràs d seachad mu na cùil againn. Cha'n urrainn mi a ràdh aig an àm gu de cho faisg sa bhios iad air na h-Eileanan Coille, ach cha bhi e fada air falbh. Tha mi creidsinn gu'm bi cuir gu leòr ann, a chionn tha iomadh slochd us plochd ann am pàirt de'n rathad a tha iad a gabhail, ged a shaoileamaid gu'm faodadh iad rathad moran na bu chòmhnarda 'ghabhail.

Chuir riaghladh na dùthcha againn mu dheidhinn cladhach airson guail, agus chaidh iadsan a bha ris an obair coig ceud agus sia troidhean a dhoimhneachd ach cha'n fhacas coltas guail, ach fhuair iadsan deagh shuim airgid air son an cuid obair. Fhuair iad da chiad deug gu leith dolair, agus mar sin thatar a smaointeachadh gu'n caill an luchd-riaghlaidh am misneach gus 'fheuchainn tuilleadh aig an ruith ud.

Tha daoine an ireadh mhath dhe'n bhuaire an so ach tha cuid a gearain gu bheil meirg air pàirt de'n choirce. Tha 'a cruithneachd aig a mhor chuid meadhonach maith agus thatar a smaointeachadh gu'm bi am buntata gle mhath ged a bha 'm daolag neònach a deanamh a dichill gus a mhilleadh.

Tha coltas a gheamhraidh a tighinn a nis agus tha aobhar dòchais gu'm bi càirdean MHIC-TALLA a dol nis lionmhora agus nach bi iad

idir a deanamh dichuimhne air a bhi ga chumail suas. Tha mi an dòchas cho fad 'sa bhios mi fein beò co-dhiu gu'm bi e air a chumail beo, slàn, fallain, agus a dol nis lionmhora am measg ar luchd-dùthcha. 'S maith an comharradh air a bhi faicinn na ministearan agus na sagartan Gaidhealach a bhi ga ghabhail cho lionmhor, ach tha mi 'g ionndrainn cuid de na ministearan Gaidhealach a's aithne dhuinn gle mhaith nach faic sinn an ainmean idir ann. Cha chreid mi nach feumte comhairle Chalum Ruaidh a chur an cleachdadh riu. Ach tha da charaid mhath dhe'n t-seòrsa aige ann an so co-dhiubh agus 's iad sin an t-Urramach <eng>Mr. Sinclair<gai> agus mo charaid caomh agus caoimheil an t-Urramach Calum Caimbeul ann an Strath-Alba. Ach 's tric a bhios mi smaointeachadh gu de a thainig air ar deagh charaid Bodachan a' Ghàraidh a b' àbhaist a bhi cho friogadach 's cho frogadach, cho laghach, agus cho caoimheil, a toirt dhuinn an dràst 'sa rithist litrichean cho sgiobalta a bha a toirt moran fiosrachaidh agus toilinntinn do ur luchd leughaidh. Thugaibh mo mhìle beannachd dha, agus a cheud àite anns an tachair an cothrom orm òlaidh m i air a dheagh shlàinte. Tha iomadh caraaid againn a b' àbhaist a bhi sgriobhadh nach eil sinn a cluinntinn guth uapa. Tha mi fhein a sgriobhadh so le ite coilich-fhrangaich a fhuiar mi bho'm dheadh chairid Donachadh Crabhart, agus tha dochas agam ma chi e so gun cuir e a dh'iaraidh MHIC-TALLA gun dail, agus tha mi creidsinn gu'm faic, oir tha an deadh Ghaidheal agus am fìor dhuine uasal a fuireach faisg air agus tha e faotainn MHIC-TALLA bho na thoisich e n toiseach agus se sin Iain G. Mac Leod. Tha mi a toirt taing dhut airson oran na piob thombaca a chur sa MHAC-TALLA; saoilidh mi gu bheil e gle laghach. Tha mi smaointeach gum bi mi stad aig an am so air eagal gum bi sibh uile fas sgith dhem fhaoineis, 's mar sin bidh mi gabhail beannachd leibh fein agus ler luchd leabhaidh caideal air fad an la chi 's nach fhaic.

SEUMAS A. MAC-ILLEMHAOIL.

Canada.

Anns a' bhliadhna 1842 labhair fear-sgriobhaidh ann an Cuairtear nan Gleann mu 'n dùthaich so mar a leanas. Tha moran de na bh' air a radh leis cho fìor an diugh 'sa bha e 'n uair sin.

Gun teagamh rìr bith 's i so an dùthaich a's freagaraiche do Ghàidheil dol, a tha 'cur rompa tìr an athraichean fhàgail. Cha'n eil cosnaiche slàn, fallain a tha eòlach air obair, agus toileach obair a dheanamh nach faod fearann saor a bhi aige dha féin ann am fìor bheagan bhliadhnachan, agus a bhi cho cothromach, socrach, 's a 's miann leis ged nach 'eil peighinn air a shiubhal, ma bheir e 'n aire dha féin; 's ma tha e glic grunn-dail, faodaidh e chur cul a làimhe an ceann trì no ceithir a bhliadhnachan na chuireas 'n a chomas àite seasgar faotainn da féin agus a ràdh: "Tha mi nis air mo dhùnan féin agus feuch cò a chuireas dheth mi!"

Iadsan aig nach 'eil airgid r' a thoirt leò, ach a tha 'dol a mach mar luchd-cosnaidh, chomhairlicheamaid iad a dh'fhalbh tràth 's a' bhliadhna, a' cheud cosnadh math a thachras orra gabhail, iad a bhi

foighidneach, seasmhach, fuireach 'n an luchd-oibre 's 'n an sgalagaibh gus an tuig iad gu math nàdur an fhuinn, nàdur na dùthcha 's an dòigh a's feàrr gu cinneachadh, agus gu àite fhaotainn dhoibh féin.

Tha sinn 'g a innseadh mar fhìrinn gu m' bheil daoine 's an duthaich sin aig nach robh aona pheighinn an latha 'chaidh iad air tìr gun sgoil gun ionnsachadh; ach stuama, riaghailteach, seasmhach, saothaireach, agus ann an ceann trì bliadhna, aig an robh leth-dusan mart, mucan, eunlaith agus a' h-uile goireas a b' urrainn doibh iarraidh. Ma thogras duine air bith an ainm fheòraich, bheir sinn daibh an ainm 's an sloinneadh agus an t-àit' as an d'fhalbh iad.

Tha an sgeul "Suiridh Lachain Bhain," a gheibhear air taobh eile air a toirt á leabhar a thatar a' cur a mach le "Fionn" da'n ainm Leabhar na Ceilidh.

[TD 90]

[Vol. 6. No. 12. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. VIII.

"A bhaintighearna," ars' an dara caladair a chum fios a thoirt dhut air an doigh tubaistich anns an do chaill mi mo shuil dheas, feumaidh mi eachdraidh ma bheatha innseadh o thoiseach gu deireadh.

Is mac rìgh mise, agus cha robh mi ach gle og an uair a dh' aithnich m' athair gu'n robh moran tuigse air a bhuileachadh orm. Fhuair mi ard-fhoghlum; oir cha robh duine a b' fhoghlumte na cheile anns an rioghachd aig m' athair nach robh greis 'g am ionnsachadh. Cha bu luaithe a bha mi comasach air sgriobhadh is leughadh a dheanamh na dh' ionnsaich mi air mo theangaidh a h-uile facal de 'n Chorán o thoiseach gu deireadh. A chum gu'm bithinn comasach air teagasgan is earailean an leabhair mhath so a thuigsinn, leugh mi gu curamach gach leabhar-mineachaidh a sgrìobh daoine foghlumte air. A bharrachd air so; leugh mi gach beul-aithris a bha air chuimhne mu thimchioll an fhaidh. Fhuair mi eolas mor mu gach seorsa foghlum eile air am biodh e feumail do mo leithid eolas is fiosrachadh 'fhaotainn. Ach os cionn gach ni eile, bha mi ainmeil air son cho math 's a dheanainn sgrìobhadh. Cha robh fear eile ri 'fhaotainn, ge mor am facal e, a dheanadh sgrìobhadh a leith cho math rium.

Cha b' e mhain gu'n robh m' ainm agus mo chliu fad' is farsuinn air feadh na rioghachd aig m' athair mar dhuine ro fhoghlumte, agus mar sgrìobhadair math, ach chualas iomradh orm ann an luchairt rìgh nan Innsean. Bha toil mhor aig an rìgh chumhachdach so m' fhaicinn agus chuir e teachdaire le tìodhlacan luachmhor far an robh m' athair,

agus dh'iarr e air m' athair mise a leigeadh car uine do 'n luchairt aige. Bha m' athair gle dheonach mo leigeadh air falbh. Bha fhios aige gu'n deanadh e feum mor dhomh am barrachd de'n t-saoghal 'fhaicinn, agus greis de 'n uine a chur seachad ann an cuirt righ nan Innsean. A bharrachd air so, bha toil aig m' athair cairdeas a dheanamh suas ri righ nan Innsean gu h-araidh o 'n a bha e 'na righ mor cumhachdach.

Dh' fhalbh mi comhladh ris an teachdaire, ach o 'n a bha 'n t-astar araon fada agus doirbh ri 'dheanamh, cha d' fhalbh comhladh ruinn ach beagan cuideachd. An uair a bha sinn dluth air mios air ar turus, air latha araidh chunnaic sinn buidheann mharcaichean a' 'tighinn 'nar coinneamh. Mar a bha iad a tighinn ni bu dluithe dhuinn rinn sinn am mach gu'm bu robairean iad, agus gu'n robh mu leith cheud ann diubh. O nach robh againn ach deich eich luchdaichte le nithean a bha feumail dhuinn air son ar turuis, agus le tiodhlacan a bha m' athair a' cur a dh' ionnsuidh an righ, agus o nach robh sinn ann ach beagan dhaoine, tha e furasda thuigsinn gu'n d' fhuair na robairean lamh-an-uachdar oirnn ann an tiotadh. Ged a thuirt sinn riutha nach robh annainn ach teachdairean a bhuineadh do righ nan Innsean, cha tugadh iad urram no fathamus sam bith dhuinn. An aite sin, is am a thuirt iad ruinn ann an cainnt ladarna, "C'ar son a bheireamaid meas no urram do bhur righ?" Cha'n ann de 'sluagh sinn, agus cha mho a tha sinn air a chuid fearainn.

An uair a thuirt iad so, chuartaich iad sinn, agus thoisich iad ri ar marbhadh. Bha mise 'gam dhion fhein cho fad 's a b' urrainn domh; ach an uair a lotadh gu h-olc mi, agus a chunnaic mi gu'n robh an teachdaire agus na daoine a bha maille ris 'nan sineadh marbh air an talamh, mharcaich mi air falbh le m' bheatha cho luath 's a dheanadh an t-each dhomh. Ged a bha an t-each air a lotadh cho math rium fhein, fhuair mi air falbh le m' bheatha. Cha robh mi astar fad air falbh an uair a thuirt an t-each marbh fodham. An uair a chunnaic mi nach robh neach air mo thoir, thuig mi gu'm b' fhearr leotha greim a dheanamh air a' chreich na orm fhein.

Bha mi 'nam onar anns an fhasach, agus mi leointe, agus gun duine agam a dheanadh an cuideachadh bu lugha leam. Cha robh de mhisnich agam na gabhadh an rathad mor, air eagal gu'n tachradh feadhain de na robairean rium.

An uair a cheangail mi na lotan-agus gu fortanach cha robh iad cho dona 's a shaoil mi-choisich mi re na bha romham de 'n latha gus an d' rainig mi bonn beinne anns a robh uamha do'n deachaidh mi steach. Chuir mi seachad an oidhche anns an uamhaidh, gun ghreim bidh ach beagan mheasan a bhuaibh mi air an t-slighe.

Choisich mi romham re iomadh latha, ach cha robh aite-comhnuidh a' tachairt rium. An ceann mios thainig mi gu baile mor a bha anabarrach maiseach, agus anns an robh moran sluaigh a' gabhail comhnuidh. Bha mi ro thoilichte an uair a rainig mi e, agus dhichuimhich mi ann an tomhas mor am bron, an amhghair, agus an eis anns an robh mi. Bha m' aghaidh, mo lamhan, agus mo chasan dubh le losgadh na greine; agus o 'n a bha mo bhrogan 's mo stocainnean air

caitheamh leis na rinn mi de chois eachd, b' eiginn domh a bhith 'falbh casruisgte. A bharrachd air so, bha na bh' umam a dh' aodach air a dhol 'na luideagan.

Chaidh mi steach do'n bhaile feuch am faighinn am mach c'àite an robh, mi, agus an uair a bha mi 'coiseachd troimh 'n t-sraid, bhruidhinn mi ri taillear a bha 'na sheasamh ann an dorus a bhuthadh. Ged nach robh mi ach gle luideagach salach, truagh ann coltas, dh' aithnich e gu'n robh mi air mo bhreith 's air m' arach ni b' fhearr na shaoileadh daoine air mo choltas. Bhruidhinn e rium, agus dh'iarr e orm suidh. 'Na dheigh sin dh' fheoraich e dhìom co as a thainig mi, agus gu de 'chuir do 'n bhaile mi. Dh' innis mi dha gu saor, soilleir cò mi, agus gach cruaidh fhortan a thachair rium o 'n a dh' fhalbh mi a luchairt m' athar.

Fhad 's a bha mi ag innnsidh mo naigheachd dha, dh' eisd e rium le deadh aire; ach an uair a chuir mi crìoch air na bh' agam ri radh, an aite comhfhurtachd a thoirt dhomh, is ann a mheudaich e mo bhron. "Thoir do cheart aire," ars' esan, "nach leig thu ris do neach sam bith co thu; oir tha naimhdeas ro mhor aig prionnsa na rioghachd so do d'athair agus faodaidh tu a bhith cinnteach gu'n dean e cion ort ma gheibh e fios gu'm bheil thu 's a' bhaile so."

Cha do chuir mi teagamh 's am bith ann am briathaan an tailleir. Thug mi taing dha air son a chomhairle, agus thuirt mi ris gu'n robh mi deas gus a chomhairle a ghabhail ann an ni sam bith a chuireadh e fa m' chomhair.

O 'n a bha fhios aig gun robh an t-acras orm, dh' ordaich e biadh a thoirt dhomh, agus anns a' cheart am, thuirt e rium gu'm b'e mo bheatha fuireach comhladh ris fhein. Ghabh mi gu toileach an tairgse so.

An ceann beagan laithean, an uair a chunnaic e gu'n robh mi an deis gach sgios is airsneul a bh' orm an deigh mo thuruis fhada a chur dhìom, agus air dha fios a bhith aige gu'n robh clann rìghrean, mar bu trice, ag ionnsachadh ceairde leis am biodh iad comasach air iad fhein a chumail suas na'm b' eiginn e, dh' fheoraich e dhìom an d' ionnsaich mi ceaird sam bith leis an rachadh agam air mo bheo-shlaint a chosnadh. Dh' innis mi dha gu'n robh mi anabarrach ionnsaichte anns gach uile sheorsa foghlum; agus gu'n robh mi sonraichte math gu sgriobhadh.

"Cha choisinn thu le d' chuid foghlum," ars' esan, "na cheannaicheas do dhinneir dhut. Cha 'n 'eil ni a's lugha air am bheil de mheas anns an duthaich so na foghlum. Ma ghabhas tu mo chomhairle-sa cuiridh tu aodach fir-oibre ort, agus o 'n a tha coltas ort a bhith laidir, fallainn gu leor, theid thu do 'n choille a ghearradh connaidh. Gheibh thu deadh phris air, agus theid agad air thu fhein a chumail suas gun dragh a chur air duine eile gus an cuir am freasdal fortan a's fhearr 'na do rathad. Bheir mi fheine dhut tuadh a ghearras am fiodh, agus sugan gus an t-eallach a cheangal."

Air an eagal gu'm faighteadh am mach co mi, agus a chum gu'n rachadh

agam air mi fhein a chumail suas gun dragh a chur air neach eile, dh' aontaich mi gu'n deanainn mar a chomhairlich e dhomh, ged a bha 'n obair trom agus taireil. An la-iar-na-mhaireach thug an taillear dhomh tuadh is sugan is cota goirid, agus dh'iarr a air na daoine bochda a bhiodh a' gearradh an fhiodha an rathad ionnsachadh dhomh do 'n choille, agus a bhith caoimhneil, companta rium.

Thug iad do 'n choille mi, agus an latha sin fhein ghearr mi de 'n fhiodh na choisinn leith buinn oir dhomh. Ged nach robh a' choille fad' o 'n bhaile, gidheadh o nach robh

[TD 91]

[Vol. 6. No. 12. p. 3]

morán dhaoine a' dol a ghearradh connaidh innte, bha e gann gu leor anns a' bhaile, agus mar sin, bha sinn a' dheanamh deadh thuarasdail a h-uile latha. An uine ghoirid choisinn mi suim mhath airgid, agus phaigh mi do'n taillear gach ni e thug e dhomh.

Lean mi air an obair so fad bliadhna. Air latha araid thachair dhomh a dhol ni b' fhaide steach do'n choille na b' abhaist domh. Thoisich mi ri gearradh craoibhe; agus an uair a bha mi 'feuchainn ris a' bhun aice a spionadh as an talamh, thug mi an aire gu'n robh dorus-falaich foidhpe. Ghlan mi air falbh an uir, agus an uair a dh' fhosgail mi e, chunnaic mi staidhre fodha. Ghabh mi sios an staidhre so, agus an tuadh 'nam laimh, An uair a rainig mi a bonn, fhàir mi mi-fhein ann an luchairt mhoir. Ghabh mi uamhas an uair a chunnaic mi gu'n robh i cho soilleir le solus dealrach 's ged a bhiodh i air uachdar na talmhainn. Ghabh mi ceum air cheum air aghart troimh 'n luchairt agus chunnaic mi bean-ùasal cho briagha 's a chunnaic mo shuil riamh a' coiseachd 'nam choinneamh. Cha b' urrainn mi mo shuil a thogail dhith. Rinn mi cabhag gus a coinneachadh; agus an uair a chrom mi a thoirt umhlachd dhi, thuirt i, "Co thusa? An e duine no fathach a th' annad?"

"A bhaintighearna," arsa mise, "is duine mi da rìreadh; cha 'n 'eil co-chomunn sam bith agam ris na fathaich."

Tharruinn i osna throm agus thuirt i, "Cia mar air an t-saoghal a thainig tu do 'n aite so. Tha coig bliadhna fichead o 'n a thainig mise a dh' fhuireach do'n aite so, agus cha'n fhaca mi duine anns an uine sin ach thu fhein."

(Ri leantuinn.)

Gnothaichean an t-Saoghail.

Tha mi-riaghailt, 'us upraid, 'us aramach nach eil faoin am measg an t-saoghail aig an àm so. Is e cuibhrionn gasda, farsuing, beartach de 'n talamh gu leir a tha ann an America mu dheas. Tha iomadh rioghachd anns a' mhor-roinn so. Is ann aig na Spaintich a bha

'cheud eòlas air a mhor-roinn so, 'us is ann doibhsan a bhuineadh a cheud oidheirp air laghannan dìreach, ceart, a thabhairt do na daoine 'tha 'tuineachadh ann an comhnardan torrach, leathainn, agus am measg slios an 'us sleibhtean na tìre sin, grianach, sultmhor, dreachmhor, mar a tha i. Bu latha bronach, duaichni do America mu dheas, an latha anns an d' fhuair na Spaintich ughdarras co mor innte, oir is ro-bhochd eachdraidh nan Spainteach ann an America gu leir. Sluagh feineil, ardanach, uaibhreach, gun tuaiream, gun toinise, a tha riamh annta. An drasd agus a rithist tha aramach fuileachdach ann an rioghachd eigin a bhuineas do America mu dheas. Tha 'n luchd-riaghlaidh air am marbhadh no air an tionndadh a mach. Tha dealas 'us dìchioll na dùthcha air an stad. Cha 'n ei sith no tearuinteachd do neach air bith an uair a tha 'n rioghachd cosmhuil ris a' chuan bheucach air a luasgadh 's air a liodairt a null agus a nall le feachdan guineach, lionmhor. Cha bhi cothrom ceart aig America mu dheas air gnìomharan foghainteach a dheanamh, gus am faigh i luchd-riaghlaidh glìce, tapaidh, duineil, seasmhach, agus gus am bi beatha gach duine tearuinte, 'us ceartas 'us firinteachd air an cumail suas gu gaisgeil, durachdach.

Is e eilean laghach, torrach a tha ann an Cuba. Buinidh e do na Spaintich; agus is iomadh spairn, 'us cruadal, 'us dortadh fola 'bha eadar na Cubanaich agus na Spaintich. O cheann da no trì bhliadhnaichean tha upraid 'us othail mhuladach anns an eilean. Tha 'n t-eilean ann an tomhas mor air a mhilleadh. Tha fearg eagalach air na Cubanaich, agus tha iad a' dol g' an dubhlan airson crìoch a chur gu brath air uachdaranachd mosach, neo-cheanalta nan Spainteach. Cha 'n eil e furasda beachd chinnteach a thabhairt ciamar a theid a' chomhstri ann an Cuba.

Tha ar coimhearsnaich, na Stàitean, daonnan deigheil air farum uamhasach a dheanamh agus air guth ard, peasanach a thogail ann an ceistean cudthromach an t-saoghail gu leir. Is àluinn, agus is foghainteach, agus is suilbhir da rìreadh, an dùthaich a' tha deanadh suas na Stàitean. Is e daoine tapaidh, innleachdach mar an ceudna tha 'gabhail comhnuidh anns na Stàitean. Nam bitheadh daoine pongail, tuigseach, stuama, daonnan a' stiuiradh na luinge, bhithheadh cisean na dùthcha lionmhor. Bhithheadh e comasach dì gach fiach a phaigheadh gun dragh air bith. Bhithheadh moran ionmhais gach latha ann an sporran luachmhor na tìre. Bhithheadh i 'sealbhachadh, mar bu choir dhi, aite urramach, uasal, onarach, am measg rioghachdan na talmhuinn. Bhithheadh i 'togail a guth gu duineil, dana, firinneach, as leth a' cheartais agus air ioma cuis o eirigh gu luidhe na greine. Gu cinnteach cha 'n eil aobhar sonruichte air bith againn ann an Canada 'bhi 'taingeil do na Stàitean airson cairdeis no caoimhneis no coimhearsnachd ghasda air bith a nochd iad riamh dhuinn. An uair a ghabhas sinn beachd air na laithean a dh' aom, chi sinn le mulad mor gu 'n d' fhuair iad a' chuid a b' fhearr ann an iomadh cordadh 'us reiteachadh a bha eadar Breatunn agus iad fein, mu dheibhinn fearainn 'us nithean eile 'bhuineadh ann an tomhas mor do Chanada. Nam bitheadh luchd-comhairle Bhreatuinn daonnan eolach, 'us dileas, 'us duineil mar bu choir doibh a bhi, bhithheadh againn an diugh ann an crìochan farsuing Chanada, Maine, a tha ri taobh a' chuain, agus iomadh stàit bheartach, thorrach,

àillidh, ann an airde 'n iar America mu thuath. Tha deigh mhor aig luchd-riaghlaidh air a bhi bagrach, air a bhi 'labhairt ann am briathran fuaimneach, agus air a bhi 'cumail a mach gur iadsan na daoine 's modha gliocais, 'us onoir, 'us tapaidh, 'us ceartais a chunnaic an saoghal riamh. Ma tha Canada 'soirbheachadh gu maith, cha 'n eil ach gle bheagan buidheachas againn ri 'thabhairt do na Stàitean. Tha i do gnath dichionnach ann a bhi 'togail balla mor eadar iad fein agus sinne, balla chumas uainn gach comas air maith air bith fhaotainn bho mhargaidhean nan Stàitean. Cha leig iad do luchd-ceirde dol o Chanada 'dheanamh obair air bith anns na Stàitean. Cha 'n ann idir air doigh uasal, bhòidheach, a's àbhaist doibh luach nan ron 's an eisg a phaigheadh. Is ann gu carach, lubach, a's gnath leo beachdan daoine foghlumte 's onarach a chomhlìanadh gu ceart. Tha iad a' deanamh moran aimhreit mu dheibhinn nan ron anns a' chuan fharsuing a tha air taobh eile na dùthcha. Fhuair iad moran airgid airson nan lochdan eagalach, mar bhios iad fein ag radh, a rinn an Alabama orra am feadh a bha iad fein agus na Stàitean mu dheas a gleachd agus a' dortadh am mach am fola mar uisge na h-aimhne. Airson lochdan na h-Alabama fhuair iad fichead uaire tuille a 's a bu choir doibh fhaotainn. Carson nach d' thug iad air ais do Bhreatunn an t-airgid air nach b' urrainn doibh coir a dhearbhadh Carson a tha iad a' gleidheadh, mar ni na meirlich airgid nach buin idir doibh: airgid a bhuineas do Bhreatunn: airgid nach bu choir doibh riamh fhaotainn agus nach fhaigheadh iad, nam bitheadh luchd-riaghlaidh Bhreatuinn aig an àm anns an robh gnìomharan olca na h-Alabama ann am beul nan Stàitean mu thuath, duineil, curanta, neo-sgathach agus fìor-eudmhor mar a bu choir doibh a bhi anns gach àm agus anns gach deuchainn 'us cogadh 'us aimhreit.

CONA.

Bha saor ann am baile Ghlaschu aon uair agus ged nach robh e 'na dhuine leisg, cha robh e cho toigheach air obair agus a dh' fhaodadh e a bhi. B' àbhaist da a bhi fadalach gach maduinn ach a dh'aindeoin sin b' e an ciad dhuine a sguireadh de obair nuair a bhitheadh an clag air a bhualadh anns an fheasgair. Aon mhaduinn bha e ni b' fhaide air dheireadh na b' àbhaist da ach nuair a thàinig am feasgar b' e an ciad fhear a chuir a chota uime. Cha b' urrainn do 'mhaighistir cur suas le so agus ghlaodh a ris. "Sheumais! is i mo bheachdsa nach 'eil e iomchuidh dut a bhi a' sgar de obair cho fìor luath, oir cha robh thu cho ealamh gu toiseachadh 'sa mhaduinn." "A dhuine!" arsa Seumas, "tha mi cinnteach nach bu mhath leat, mi a bhi air dheireadh aig dà cheann an latha."

Bha fear-turuis Sasunnach ann an Cataobh an uiridh agus mar is àbhaist do a luchd-dùthcha uile, bha e smeachrannachd ri nithe nach do bhuin da. Bha e gabhail sgrìob aon latha agus thachair e air caileag a bha siubhal an ràthaid cas ruisgte, agus thuirt e rithe, "An àbhaist do mhuintir na dùthcha so a bhi dol cas ruisgte? "Is àbhaist, uairean," fhreagair a' chailin, "agus uairean eile tha iad a' toirt aire do an gnothachan fein."

[TD 92]

[Vol. 6. No. 12. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 17 <eng>SEPTEMBER<gai>, 1897.

Tha <eng>exhibition<gai> gu bhi ann a' Halifacs deireadh a mhios so, a' fosgladh air an 29mh latha. Tha 'n <eng>exhibition<gai> bhliadhnail gu bhi ann an <eng>Charlottetown<gai> an t-seachdain roimhe sin. Cosgaidh e barrachd mor do dhuine dhol á Sidni gu Halifacs na dhol gu <eng>Charlottetown,<gai> ged a tha sin gle neònach. Gheibhear a' Sidni gu <eng>Charlottetown<gai> 's air ais air son ceithir dolair gu leth. Tha cuid de phaipearan an eilean so ag radh nach eil muinntir Halifax a toirt ceartas do Cheap Breatunn anns an dòigh sin, agus a tha iad a' comhairleachadh d'an luchd-leughaidh a dhol gu féill Eilean a' Phrionnsa. Cha'n eil teagamh againn nach gabh àireamh mhath an comhairle.

Bha <eng>Sir Wilfred Laurier,<gai> Prìomhair Chanada, ann an <eng>St. John, N. B.,<gai> air an t-seachdain so, agus muinntir a bhaile sin, mar a rinn muinntir bhailtean eile, a deanamh othail mhor ris. Fhuair e cuireadh a dhol gu Halifacs, ach cha b'urrainn da a dhol ann air an turus so. Ann an òraid a liubhair e ann an St. John, thuirt e gu robh e, o'n dh'fhalbh e toiseach an t-samhraidh, ann am Breatunn, anns an Fhraing, 's anns an Eadailt, ach 'na uile shiubhal nach fhac' e dùthaich a' b'fhearr leis na anns am bu docha leis a bhi còmhnuidh na ann an Canada. Tha <eng>Sir Wilfred<gai> 'na òraidiche math, agus tha tlachd mor aig sluagh a bhi 'ga éisdeachd.

Chaidh an inneal a bha cumail an t-soluis ris a' bhaile air aimhreit

toiseach na seachdain so, agus dh' fhàg sin daoine a' siubhal anns an dorchadas fad thri no ceithir a dh' oidhcheannan. Bha na sràidean gun solus idir, agus cha robh na taighean moran na b' fhearr dheth. Chaidh pàirt de'n inneal a chur air falbh gu bhi air a chàradh, agus thainig a air ais oidhche Dìor-daoin. Bidh an solus cho math an nochd 'sa b' àbhaist da bhi.

Tha an t-àr-a-mach a dol air adhart anns na h-Innsean fhathast, ach tha na blàir a thatar a' cur a' dol an aghaidh nan ceannairceach. Tha iad ag radh gur h-e dh' aobharaich a cheannairc gu bheil na nàisinnich a meas gleann àraidh air 'n do ghabh na Breatunnaich seilbh mar àite naomh, agus gu robh iad uime sin an aghaidh sluagh sam bith nach robh de 'n creud fhéin a bhi ann. Is Mahomedanaich iad, agus bha iad sin riamh ainmeil air son a bhi nochdadh an eud d'an creideamh leis a' chlàidheamh. Tha cuid a' meas gu'n cosg e coig muilleanan deug dolair do Bhreatuinn a' cheannairc a chur fodha.

Air son sith agus sàmhchair a dheanamh cinnteach tha baile Halifacs ag iarraidh ceithir fichead 'sa sia de mhaoir-sithe fhad 'sa bhios an t-<eng>exhibition<gai> ann. Leig an luchd-riaghlaidh fios gu robh an àireamh sin a dhith ona Di-luain s'a chaidh, agus Di-mairt bha mu thri cheud duine air am beulaobh ag iarraidh fastaidh. Feumaidh gu bheil moran 'nan tàmh anns a' bhaile. Ann an Sidni, aig àm na h-Iubili, theab fairthleachadh orra deich no dusan duine fhaotainn a ghabhadh orra fhéin a bhi 'nam maoir-sithe ged a bha deagh thuarasdal air a thairgse dhaibh.

Chaidh tigh ann a' Halifacs, anns an robh <eng>A. M. Bell & Co.,<gai> ri ceannachd, na theine Di-sathairne s'a chaidh. B'fhiach na bh'ann de bhathar mu shia mile deug air fhichead dolair, agus chaidh a losgadh air fad. Eadar sin agus na rinneadh de mhilleadh air an tigh fhéin, thatar a' meas gu'n do chailleadh fiach leth-cheud mile dolair. Bha mu shia mile deug air fhichead de dh' airgead-urrais air an tigh 's air na bh'ann.

Bha latha mor aca ann an Truro Di-màirt. Bha iad a' cumail co-ainm an latha air an d' thainig a' cheud luchd-àiteachaidh d'an t-siorrachd, agus mar an ceudna Iubili na Ban-righ'nn. Bha an latha dorcha, fliuch, ach a dh'aindeoin sin, chaidh gach ni air adhart gu math, agus cha robh aithreachas sam bith orra air son Iubili na Ban-righ'nn a chumail cho fad air deireadh air a' chuid eile dhe'n t-saoghal.

Tha 'n Klondike a' sior tharruinn dhaoine air falbh as gach àite, agus tha 'chuid mhor dhiubh nach gabh rabhadh no comhairle, ach a dh'fhalbhas a dh'aindeoin ciod a thachras dhaibh. Tha iad-san a tha falbh mar sin a' smaoineachadh a mhàin air an òr, ach tha iad-san a tha tilleadh a toirt iomradh air na cruadalan 's na deuchainnean troimh 'n robh aca ri dhol a falbh 'sa tilleadh.

Gheibhear ainmean na muinntir a phàigh anns an àireamh so. Ma rinn sinn dearmad air neach sam bith, cuireadh e fios ugainn, Am faca tu sa d'ainn fhéin anns a' phaipeir o chionn ghoirid? Am bu chòir dhuit

fhaicinn ann? Na dean dearmad air do dhleasan na's fhaide mur d'rinn thu e cheana.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 93]

[Vol. 6. No. 12. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Thatar a' cur eaglais ùr Chaitliceadh suas ann am Mabou. Tha i nise teannadh ri bhi ullamh, agus tha i gu bhi air aon de na h-eaglaisean a's briagha th' air an eilean.

Chaidh a' bhreac a chur air coig mìle fichead duine ann am Montreal o chionn mìos no dha air ais. Ghabh iad aon uair an t-eagal gu robh a' bhreac a' dol a sgaoileadh air feadh a' bhaile, ach tha i nise air a casg gu math.

Shil roinn mhath uisge o chionn seachdain, agus bha àiteachan a bha gle fheumach air. An turadh a bh' ann o chionn àireamh sheachdainean rinn e na tobraichean 's na fuarain a thiomachadh air dhòigh 's gu robh iomadh neach éiseil le cion uisge.

Tha làn chead aig daoine nise air a bhi 'glacadh nan eisirean 's a' marbhadh nan cearcan-tomain. Bha an t-am anns nach faodte sin a dheanamh suas Di-ciaduin. Thatar ag radh gu bheil na cearcan-tomain gu math gann an Ceap Breatunn air an fhoghar so, ach tha na h-eisirean pailt gu leòr.

Tha sinn a' cluinntinn gu bheil Iarla Obaraidhean agus a Bhan-Iarla dol a thighinn do Cheap Breatunn air a cheud seachdain de dh' October, agus gu'm bi iad ann fad dha no trì lathaichean. Cha'n eil teagamh againn nach cuir muinntir an eilean so fàilte chridheil orra.

Thatar ag radh gu bheileas an deigh gual fhaotainn ann an àite no dha an Ontario, ach tha moran nach eil a thoirt moran creideis dha. Tha muinntir Ontario an dràsda faotainn an cuid guail as na Stàitean agus bu mhath an ni do'n mhor-roinn sin na faighte gual math innte fhéin.

Bha Sasunnach òg d'an ainm <eng>Alfred Lyle<gai> ag obair còmhla ri tuathanach ann an Ontario o chionn beagan ùine air ais air tuarasdál na bu lugha na dolair 's an latha. An la roimhe fhuair e fios gu robh dileab air a fàgail aige ann an Sasuinn a b' fhiach tri cheud gu leth mile dolair.

Chaidh fear Mac Coinnich, a mhuinntir siorrachd Cholchester, air chall anns a' choille faisg air <eng>Lepreaux, N. B.,<gai> agus bha e mar sin bho Dhi-haoine gus an ath Dhi-ciaduin. Bha e air a chlaoidh gu mor leis an sgios 's leis an acras 'nuair a fhuaireadh e. Chaidh a chur dh' an ospadal, agus tha e 'dol am feabhas.

Tha Sinagog Iùdhach ann am baile <eng>Halifax,<gai> ach a reir sgeòil cha'n eil iad á faotainn air adhart innte ach gu h-aimhreiteach. Tha iad air uaireannan a' dol othrod gu builleann, agus tha aon de na phaipearan a ag radh ged nach eil na h-Iùdhaich gle lionmhor anns a bhaile sin gur math is aithne dhaibh sabaid.

Chuir àireamh a mhuinntir Cheap Nòr a tha ann am Boston, airgead cruinn o chionn ghoirid a cheannach tri seithrichean briagha do chùbaid na h-eaglais anns an robh iad ag aoradh 'nan cloinn agus anns am bheil an càirdean aig an tigh a' deanamh sin fhathast. 'S math an ni a rinn iad: tha e 'na dheagh chomharradh air feadhain a dh' fhàg an dùthaich a bhi cho cuimhneach air na dh' fhàg iad as an deigh.

Is còir do na tuathanaich aig am bi am buntàta gu math a bhi gle chùramach uime, oir tha e gu bhi gann air a' bhliadhna so, agus bidh a phris na's àirde na bha i o chionn bhliadhnaichean. Ann an Ontario, agus an àiteachan eile, tha an grodadh air tigh'nn ann, agus a cur as da gu mor. Tha e air tòiseachadh ann an Nobha Scotia cuideachd, agus tha e coltàch gu'm bi e gann gu leòr an sin. Cha chuala sinn ciamar a tha e air Eelean a' Phrionnsa, ach se 's dòcha nuair a tha 'n grodadh an àiteachan eile gu'm bi e an sin cuideachd.

'N uair a rinneadh morair de Shir Domhnull <eng>Smith<gai> aig àm na h-Iubili, dh' fhàgadh taghadh ainme aige fhéin, agus cha do rinn e sinn gus o chionn ghoirid. Theirear ris a nise "Morair Strathchomhainn agus na Beinne Rioghail," ainm a tha cho fada 's gu foghainn e. Tha Strathchomhainn, mar a dh' innis "Gleann-a-Bhàird" dhuinn, air oighreachd Shir Dhomhnuill 's an t-seann dùthaich, agus 's i Bheinn Rioghail a' bheinn a tha air cùl Mhontreal, baile anns 'n do chuir Sir Domhnull seachad iomadh bliadhna de 'bheatha.

Chaidh dithis dhaoine, Iain Mac Fhearghais agus Murchadh Domhnullach a bhàthach a mach á Fourchu air an t-seachdamh latha dhe'n mhios so. Bha iad fhéin us fear eile, Iain <eng>Severance,<gai> a mach ann am

bàt-iasgaich, agus chaidh a chur thairis, 's lion e le uisge. Fhuair <eng>Severance<gai> greimeachadh ris na ràimh gus an d' thainig soitheach an rathad a thog e. Dh'fheuch an Domhnullach ri snàmh gu tir, ach bha 'mhuir cho garbh 's gun deach e fodha an ùine gle ghoirid. Lean Mac Fhearghais ris na raimh cho fad 'sa b' urrainn da, ach dh' fhàs a chuid aodaich cho trom 's gun deach e fodha.

Fhuair eadh litir o chionn ghoirid o Domhnull Mac Neacail, a bha còmhla ri triùir no cheathear eile mhuinntir Cheap Breatunn air an t-slighe gu Klondike. Bha litir anns na paipearan-naigheachd roimhe o fhear Mac Neill a bha 'sa chuideachd chreudna, ach bha iad an uair sin fada bho'n ceann-uidhe. Nuair a sgrìobhadh litir Mhic Neacail, air an dana latha deug de Iùlaidh, cha robh iad ach mu cheud mìle bho'n àite, agus bha a' chuid bu mhiosa dhe'n t-slighe seachad. Thachair sgioba orra a bha fàgail na dùthcha agus 's iad sin a thug an litir air adhart gu aite 'san robh posta ruith. Thug iad misneachd mhath dhaibh mu 'n àite dh' an robh iad a' dol, 's ged fhuair iad anradh us sàrachadh gu leòr air an turus, bha iad an dùil gu'm bu mhath a phàigheadh e dhaibh a dol ann. Bha iad an uair a sgrìobhadh an litir air an amhuinn a dìreadh gu Klondike. Buinidh Mac Neacail agus dithis eile tha 'sa chuideachd, Domhnull agus Alasdair Mac Fhionghain, do <eng>Roseburn,<gai> faisg air <eng>Hogamah,<gai> agus tha iad o chionn àireamh bhliadhnaichean ann an Columbia Bhreatunnaich. Buinidh Mac Neill do na Narrows Mhor.

Iadsan a Phaigh.

Uisdean Mac Suinn, <eng>Bridgeport,<gai>
\$2.00

A. D. Mac Suinn, Glascho, C. B,
Bean Raonuill Dhomhnullaich, <eng>M. B. Road,<gai>
An t-Urr-Alasdair Ros, <eng>Hogamah,<gai>
\$2.00

Domhnull A. Smith, an Beighe 'n Iar,
Seumas A. Camaran, Amaguadus,
\$1.50

Domhnull <eng>Johnstone, Leitch's Creek.<gai>

Ruairidh Mac Neill, <eng>Glace Bay.<gai>

Seumas <eng>Patterson, Forks,<gai> Shidni.

A. J. Mac Fhearghais, <eng>Caribou Marsh.<gai>

E. D. Nic Amhlaidh, T. D. Amhuinn Dhennis.

Steaphain Mac Neill, Cobh-a-Bheabheir,

Iain M. Mac Gilleain, <eng>Scotsville.<gai>

Niall Mac Gilleain, Fourchu.

Iain I. Gillios, <eng>Meadows.<gai>

Cailein D. Siosal, <eng>Long Point,<gai>

50c.

Calum Mac Mhannain, Braidalbainn E. P. I,

\$2.00

Alasdair Peutan, <eng>Flat River,<gai> E. P. I.

An t-Urr I. R. MacLeod, <eng>Three Rivers, Que.<gai>

\$2.00

Alasdair Mac Amhlaidh, <eng>Waipu, New Zealand.<gai>

Iain Mac-a-Bhiocair, <eng>Rescue, Mich.<gai>
A. M. Moireastan, <eng>Boston, Mass,<gai>
\$3.00
<eng>Mrs. C. B. Fox, <eng>Boston, Mass,<gai>
Bean Alasdair Rois, <eng>Somerset, Mass.<gai>
D. K. Domhnullach, <eng>Springhill, Que.<gai>
\$2.00
Eoghan Mac Gilleain, Eelean Phictou, N. S.,
\$2.00
Aonghas Mac Aonghais, <eng>Georgeville, N. S.<gai>
D. Mac Cuaig, <eng>Abbottsford, B. C.<gai>
Eoghan Mac-a-Phearsain, Trascati, 'san Eadailt,
Alasdair Peutan, <eng>Quesnelle, B. C.<gai>
Padruig Mac Gilleain, 'cul Eeiean <eng>Christmas.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35
Orain Iain Luim .30
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prisean ura.

A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 94]

[Vol. 6. No. 12. p. 6]

Suiridh Lachainn Bhain.

Tha 'n duine pongail sin Lachann Bàn cho malda athach 'na dhòigh, 's gun rachadh e anns na frògan seach éisdeachd ri trod no cath-labhar. Bha e riamh mar so, agus 'n uair a phòs e bha e na iognadh mor anns na sgireachdan mu 'n cuairt ciamar a fhuair e de mhisneach na dh' iarr gealladh posaidh 'o Mhàiri Nic Ealair, am boirionnach gleusda deandach a th' aige nis mar mhnaoi. Tha e bh' uam innseadh dhuibh ciamar a thachair a' chùis: Bha Lachann Bàn anns a' Bhail'-iochdrach o'n is cuimhne leamsa. Bliadhna 'bha sud chaill e beothach eich a bh' aige ann am bac-mòna agus bha e air a chuir-thuige gu math mor le 'challdach. Cha b'e uile gu léir luach an eich a bha e 'caoidh, ach cha robh fhios ro mhath aige c'àite 'm faigheadh e each eile a fhreagaradh dha cho math. Latha bha sin, thuit da bruidhinn ris a' ghobhainn mu 'n chùis agus 's e 'n fhreagairt a fhuair e—"Ma ta, na 'm bu mhis' thusa chaidh mi nunn do 'n Chnoc a nochd fhein agus bruidhinnean ri Eòghan MacEalair mu'n làir bhig dhuinn a th' aigesan. Bha e 'g innseadh dhomh an latha roimhe gu 'n robh i pailte aotrom airson obair-san, agus gu 'n robh e 'm beachd a reic. 'S e beothachan beag, beothail a th' innte agus 's e mo bheachd gu 'm bitheadh i fuasach freagarach air do shon-sa, a Lachainn. Tha agam fhéin ri dol rathad a' Chnuic tràth-fheasgair, agus ma thogaras tu innsidh mi do Fhear-a'-Chnuic gu 'n taghail thu air mu bheul na h-oidhche, agus rùn do thurais." "Fhir mo chridhe," arsa Lachann ris a' ghobhainn, "bithidh mi fuasach fada ann ad chomain ma ni thu sin. A bheil fhios agad gu 'n robh mi fhéin a' smaoineachadh air a' cheart bheothachan eich sin, ach tha mi air mo chlaoidh cho mor leis na coimhearsnaich mu Mhàiri Nic Ealair anns a' Cnoc-ged nach dubhairt mi facal riamh rithe mur do mhol mi 'n latha 'san dol seachad-gu 'm b' fhearr leam rud cuimseach a dheanamh na dol rathad a' Chnuic mur biodh leisgeul math agam a dhol ann."

Tha 'n gobhainn mar tha fhios agaibh làn phratan 'us feala-dhà agus d' e rinn e ach dol an Chnoc, agus innsear do Fhear-a'-Chnuic gu 'n do chuir Lachann Bàn a nios e a dh'aon obair a' dh'innseadh dha gu robh e ri tighinn 'san fheasgar a shireadh Màiri a nighean, agus gu 'n robh e 'n dochas gu 'm beachdaicheadh e air a' chùis gus a sin, agus gu'm biodh a fhreagairt deas 'n uair a thigeadh e. Chaidh

fàilte 'us furan a chur air a' ghobhainn. Thug iad a stigh e 's cha robh ni bha 'stigh tuillidh is math air a shon.

“'S e gille glan, pongail, cùramach a th' ann an Lachann Bàn,” arsa Fear-a'-Chnuic ri Seumas Gobhainn, “agus 's e 'bheatha tighinn a so a dh' iarraidh mo nighean. Ged a bhiodh ciad nighean agam an àite a h-aon cha 'n iarrainn té 'sam bith dhiu pòsda ri fear a b' fhearr na Lachann Bàn-sàr-mhac an deagh athar.”

'Nuair a bha an latha air ciaradh, 'sam feasgar air fàs gu math dorcha, thilg Lachann Bàn a bhreacan thar a ghualainn agus shèap a suas an rathad cùil a dh' ionnsuidh a' Chnuic.

Chunnaic bean Eòghain 'ic Ealair e 'tighinn agus chaidh i thun an doruis na choinneamh 's chuir i fàilte chridheil air, agus sheòl i sìos an t-seòmar e, far an robh Fear-a'-Chnuic 'ga gharadh fein ri griosaich de theine mòna, agus e gu foighidinneach a' feitheamh a thighinn.

An deigh dhoibh a bhi tacan a seanachas mu 'n aimsir, mu phrisean spréidh, mu 'n ghalar a bha 's a' bhuntàta agus cùisean cudthromach eile, dh' fheuch Lachann Bàn ri tighinn a dh' ionnsuidh rùn a thurais ag radh—“Tha mi cinnteach gu 'n d' innis an gobhainn duibh gu 'n robh mi tighinn a nios a nochd, agus ciod a bha 'g am thabhairt?”

“Rinn e sin,” arsa Fear-a'-Chnuic, “agus faodaidh mi innseadh dhuit gu 'n robh mi fhéin agus bean-an-tighe a bruidhinn mu 'n tainig thu, agus tha sinn le chéile togarrach, toilichte.”

“'S ro-mhath leam sin,” arsa Lachann Bàn, “oir a dh' innseadh na firinn dhuibh bha mo shùil innte 'o chionn ghreis a nis. Tha i ro bhòidheach, agus ciùin cneasda 'na doigh, agus tha 'n gobhainn ag ràdh gu 'n dean i gach gnè obair a theid a chur m'a coinneamh.”

“Ged is leam fhéin i, a Lachainn,” arsa Fear-a'-Chnuic, “'s cha bu mhi a bu chòir a ràdh, tha i cho math 's a tha i boidheach—cha 'n eil ann am bòidhchead ach blàth faoin a sheargas, agus tha mi toilichte fhaicinn nach ann air sgàth a h-àilleachd a mhàin a tha thu 'n tòir oirre, ach gu bheil thu ag amharc ri buadhan a's airde na sin. Dh' ainmich thu gu 'n robh i math air obair, agus their mi so, gu 'n robh i 'na cuideachadh 's 'na còmhnadh mor dhuinn ann an ioma dòigh. Tha i 'n sin agus cha dh'fheum i riamh an darna greasadh mu ni a caaidh riamh a chur m'a coinneamh—'sinn a dh' ionndrainneas i.”

“'S e mo bheachd gu bheil i slàn, gun mheang,” arsa Lachann, “agus cha 'n eil i sean, oir tha cuimhne mhath agam fhéin 'n uair a fhuair sibh i, agus”—

“Theagamh gu bheil i òg gu leòir,” arsa Fear-a'-Chnuic, “ach cha 'n eil an sin ach coire a bhios 'ga fàgail gach bliadhna, agus cha 'n e a h-uile latha a thig Lachann Bàn an so air a leithid de thurus.”

Bha iad le chéile sàmhach car tacan an deigh so. Bha Lachainn 's e 'cluich leis a' bhad dhearg a bha 'na bhoinead. Mu dheireadh thall, thuirt esan, 's e togail a chinn, "'S 'de nis a bhios sibh ag iarraidh oirre, 'Eoghain?"

Ag iarraidh oirre 'Lachainn; na bi bruidhinn air ni de'n t-seòrsa sin, a ghaol a' mhathais; ged a tha meas a's airde agam ort a chionn 's nach biodh tu a talach ged a dh' fheumadh tu a ceannach mar a rinn Iacob air a mhnaoi-san; oir tha e 'leigeil ris gu bheil thu an geall oirre air a sgàth fein, a mhàin. Ach cha 'n ann mar sin a bhitheas idir a Lachainn. An àite a bhi ag iarraidh rud 'oirre' 's ann a rinn sinn a suas ar n-inntinn gur ann a bheireadh mid' rud 'leatha,' 's cha rud suarach-ged nach abair sinn a nochd 'de na bhitheas ann."

Chuir so Lachunn air a bhonnaibh agus bha e mar fhear a chitheadh tannasg. Ged a bha e 'an comain Fear-a'-Chnuic airson a leithid do thairgse suilbhir, cha leigeadh an uaill 's an t-àrdan leis a ghabhail, 's mu dheireadh fhreagair e-

"Eoghain 'ic Ealair, cha bhi mi ri spleadhairich cainnte uair air bith, ach tha mi daonnan a' ciallachadh na tha mi ag ràdh, agus cho fìor 'sa tha mi 'n so cha 'n urrainn dhomh do thairgse measarra a ghabhail. Cha 'n eil a bheag de 'n t-saoghal agam mar tha fhios agad, ach bheir mi dhuit oirre fichead punnd Sasunnach ann ad bhois, 's cha 'n iarr 's cha ghabh mi leatha ach slat no dha de sheann taod a bheir dhachaidh leam i."

"Dean suidhe a Lachainn;. dean suidhe mo dhuine math 's na toisichimid air cònsachadh mu'n 'tochar;' ach a dhuine chridhe 'de chuir 'taod' 'ad bheachd?"

Dh' fhaodadh Lachann fheòraich cìod e thug air a bhi bruidhinn mu 'thochar' ach bha cheann a dol 'na bhreislich 's cha robh fhios aige cìod a theireadh e. Mu dheireadh an deigh dha mèrachadh tacan thuirt e—"Dh' fhaodadh mid an lanndair a ghabhail agus dol a mach 'ga faicinn, agus theagamh an deigh sin gu 'n tig sinn gu còrdadh mu 'timchioll."

"Cha 'n eil feum 'sam bith air dol a mach a Lachainn—tha i shuas an staidhir ma 's math mo bheachd."

Bha Lachann a smaointeachadh gu'm bu neònach au t-àite sin airson na làir dhuinn, ach mu 'n robh ùine aige air facal a radh, chaidh am bodach thun an doruis agus ghlaodh e—"A Mhàiri! 'Mhàiri! thig a so mo chaileag."

Thàinig Màiri a stigh cho sèimh aithiseach 's ged 'bhiodh corp anns an t-seòmar, 's rudha air a' gruaidh le nàire. "So agad Lachann Bàn," aasa Fear-a'-Chnuic 's e 'bruidhinn ri Màiri, "tha mi cinnteach gu 'n robh do mhàthair ag innseadh dhuit 'dé chuir a so e." (Bha Lachann an impis leaghadh leis an nàire, 's a' chridhe 'ga fhàgail). "Ged nach do rinn sibh riamh a bheag do shuiridh, tha sibh eolach air a chéile o'n a bha sibh 'nar cloinn, cha 'n eil eagal orm

nach tig sibh air a chéile gu gasda. Tha Lachann ag ràdh gu bheil a chridhe an geall ort a Mhàiri; a bheil thusa ma ta, toileach?" Fhreagair i gu malda, "Tha," agus chuir so Lachann ann an deargan fiabhruis. Bha e faireachduinn mar gu 'm biodh sgeap sheillean 'na cheann. Thuit a bhoineid as a laimh agus sheas e cho stolda ri bean Lot, 'n uair a chaidh a deanamh na carragh salainn. Cha bhi fhios aig neach fo 'n ghréin ciod a bha 'na bheachd 'san àm, ach so mar a fhreagair e

[TD 95]

[Vol. 6. No. 12. p. 7]

agus b' fhearr leam gun cualala sibh e 'ga radh:—

"A chàirdean, so am mearachd a's fearr 's a's taitniche a rinn mi riamh. Thainig mi an so a dh' iarraidh na 'làir dhuinn' agus 's ann fhuair mi an 'nighean bhàn,' ach ma tha sibhse toilichte tha mise lan riarachta." Mur do shiubhail iad bho sin tha iad beò fhathast.

Bha boirionnach ann am Baile Thangusdail agus bha i a mach ag iarraidh caigeann laogh, agus rug an oidhche agus an t-anmoch oirre, agus thàinig sileadh agus sian, agus bha i ag iarraidh fasnach. Chaidh i gu cnoc leis a' chaigeann laogh agus bha i a' bualadh a' chipein ann. Dh'fhosgail an cnoc, Chuala i gliogadaich, mar gu'm bitheadh buthal a' gleadhraich taobh poite. Ghabh i iongantach. Stad i bualadh a' chipein. Chuir boirionnach a mach a ceann agus na robh os cionn a meadhon agus thuirt i rithe. "Dè an gnothach a tha agad e bhi cur dragh air an tolm so anns am beil mise a' gabhail còmhnuidh?" "Tha mi a' toirt an aire air a' chaigeann laogh so, agus cha'n 'eil mi ach lag, cait an d'theid mi leo?" "Theid thu leo, a dh'ionnsuidh an uchd ud shios, chi thu bad feoir an sin." Ma dh'itheas do chaigeann laogh am bad feoir sin, cha bhi thu latha gun mhart bainne fad 's is beò thu o'n a ghabh thu mo chomhairle. Mar a thuirt i, cha robh i riamh gun mhart bainne an deidh so, agus bha i beò, còig diag agus ceithir fichead bliadhna an deidh na h-oidhche a bha sud.

SEANN SGEULACHD.

Bha bàilidh àraidh ann an Albainn o choinn mòran bhliadhnachan a bha ainmeil airson ain-tighearnais. Tha mòran diubh anns an dùthaich sin, dìreach mar sin, air an latha an diugh. Rinn e gach olc a b' urrainn do dhuine a dheanamh gus' mu dheireadh chuir an tuath rompa cur as da. B' àbhaist da dol do'n bhaile mhargadh air latha àraidh gach seachduinn agus thilleadh e gu riaghailteach aig an aon uair anns an fheasgar. Air latha de na laithean bha dà dhuine falaichte air cùl garaidh a' feitheamh air a shon. Bha am biodagan geur, loma 'nan duirn, agus bha iad an duil nach bitheadh e fada gus am faigheadh iad dioghaltas airson na h-uile eucoir a rinn e orra. Chaidh an uine seachad ach ma chaidh, cha d'thàinig am bàilidh agus

bha beul na h-oidhche faisg orra; sheall aon diubh ann aodann a charaid agus thuirt e, "A Dhòmhnail! tha mi an dòchas nach do dh' eirich cron sam bith do an duine-uasal."

Chaidh deircire a dh'ionnsuidh taigh ministir àraidh anns a' Ghalltachd, aon latha, an duil gu'm faigheadh e airgid ach thug am ministir da criomag arain ghoirt agus dh' foighnich e ris an d' rinn, e urnuigh idir air an latha sin. Thuirt am fear nach d' rinn, a chionn nach robh e eòlach air urnuigh sam bith. "A dhuine bhochd!" ars am ministir "abair mar a their mise," agus thoisich e, "Ar n-athaira ta." "Ar n-athair-ne" ghlaodh an deircire, "am beil d' athair-sa m'athair fein cuideachd?" "Seadh," ars am ministir, "Ma ta," ars an duine, "is mise do bhrathair." "Direach sin," fhreagair am ministir. Thog am fear suas an criomag arain agus thuirt e, "Nach 'eil naire ort a bhi tairgsinn criomag arain ghoirt mar so, do d' bhrathair bhochd?"

Aon eun aig a choir 's e gu doitheanach deirbh; dà eun deug aig an dreollan, 's iad gu soitheamh, soirbh.

Bhris iad an cnaimhe ach cha d' fhuair iad cothrom an smior a dheothal.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

CARADH
Uaireadairean
Glanadh,
\$0.50
<eng>Mainspring,<gai>

.60

An da chuid,

1.00

<eng>W. H. WATSON<gai>
Air an t seann Laraich.
<eng>Baddeck, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-òs cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 96]

[Vol. 6. No. 12. p. 8]

An Nighean Dubh.

'Nighean dubh nan gruaidhean craobhach,
Bha mi uair 's bu bheag a shaoilinn,
Gu'n caidilinn an oidhch' as t-aogais;
Chaidh sud aoga 's chaochail e cruth.
Tha thu suarach umam an diugh,
Ged bha uair 'bu toigh leat mo ghuth;
Tha thu suarach umam an diugh.

'N uair a bha sinn anns na gleanntaibh,
'Cuallach a' chruaidh-laoigh mu'n mhainnir
Shaoil mi fhein nach robh air thalamh
Fear a mhealladh bean a' chinn duibh.
Tha thu suarach, etc.

A thé sin a tha aig na gamhna,
Bha mi uair 's bu mhor mo gheall ort;
'S gil' thu na sneachd air na beanntaibh,
Anns an àm 's am biteadh 'g a chur.
Tha thu suarach, etc.

Tha mi lag, ged bha mi laidir,
Tha mi sgith gu siubhal fhasach;
'S gur e 'thug mo chridhe mhàn,
Ro mheud a' ghraidh a bharaig mi dhuit.
Tha thu suarach, etc.

Tha do chneas cho geal 's an fhaoileann
Do dha ghruaidh cho dearg 's an caorann;
Suilean meallach, gorm ad aodann,
Mala chaol mar ite 'n loin-duibh.
Tha thu suarach, etc.

Tha thu boidheach, tha thu loinneil,
'S duilich leam gu'm bheil thu foilleil;
'S binn' thu na guth 'choilich-choille,
Anns an doire 'n goireadh e moch.
Tha thu suarach, etc.

Is tric a bha saill air seann each,
Agus puinsean ann an glainne,
Amhuil sin a's gaol mo leannain,
Mar chop geal air bharraibh nan sruth.
Tha mi suarach umad an diugh,
Ged bha uair 'bu toigh leam do ghuth;
Tha mi suarach umud an diugh.

Oran do Mhaighdinn Cois-a-bhile.

'S ro mhuladach, neo-àdhmhor,
Mo chàradh 's an uair s',
An déigh mo leannan fhàgail
'S a' bhràighe so shuas;
Gur i mo chruinneag ghaolach,
Tha 'gruaidhean mar ma caoran,
Mar ùbhlàn air bhàrr chraobh dheth
Nach fhaodar am buain.

Ge duilich dhomh 's ge dìblidh
'Bhi às do dhìth gach uair,
Cha 'n aithnich neach gu'm bi mi
Fodh mhi-ghean no ghruaim;
'S ge cruaidh thu 'bhi 'g a m' fhàgail
Cha chuir do ghaol gu bàs mi,
'S cha ghiorraich e mo làithean
Gu bràth urad 's uair.

Ma 's e fear' thig ri d' chàirdean
A 's dàch' do thoirt uam,
Nach truagh cho fad' 's a bha mi
'G a d' thàladh gun bhuaidh!
Ma 's e 's gu 'n d' rinn thu m' fhàgail,
'S gur e fear eile 's àill leat,
Nach b' fhearr dhut innse tràth dhomh,
Na fàs rium an gruaim.

Is bochd leam thu 'bhi 'n còmhnuidh
A'n dòchas cho truagh,
A'n dùil gu 'n d' rinn mi d' fhàgail,
'S gu 'n d' fhàs mi riut fuar;
An gaol a thug mi trath dhut,
Am feasd cha dean mi àicheadh,
Cho fad' 's a bhios am bàs gun
Mo chàradh 's an uaigh.

Ach 's dona 'rinn thu 'ràidhtinn
Gu 'n d' fhàs mi riut fuar,
No gu 'n do rinn mo chàirdean
Mo bhlàth ghaol 'thoirt uat;
Ged 'thiginn gu bhi 'g aicheadh
Mo chinnidh 's dùthaich m' àraich,
Cho cinnteach ris a' bhàs, bidh
Mo ghradh dhutsa buan.

Na 'm biodh do chridh' cho deònach
Ri d' chòmhradh 'n a m' chluais,
A dh' aindeoin na tha beò,
Bhiodhmid pòsda ri luaths.
Bho 's ann a d' phearsa bhòidheich
A tha mo ghaol-sa' còmhnuidh,
'S do nàdur seirceil còmhnard,

Mo leòn thu 'bhi uam!

Tha sgéul air feadh na dùthcha
Gu 'm bheil gach cùis gu réidh,
Ach 's beag am fios na lùban
'Tha dùbhfhillt' 'n a d' chré;
Cha d' chuir i cas a'm bròig, us
Cha 'n fhacas 'g imeachd feòir i
Mu 'n deanainn móran bròin,
'S i gun deò dhomh de spéis.

Ma 's e 's gu d' rinn thu m' fhàgail,
'S gur fheàrr leat fear ùr,
Gu 'n robh gach sonas àrd ag
Cur blàth air do chrùn:
'S mo dhùrachd fear a 's feàrr dhut,
'Bhios fearail, toirteil, bàigheil,
'S a chumas tu bho ànrath,
Le càirdeas us mùirn.

Cha 'n urrainn iad a ràdh ach
Gur geàrr 'bha do rùn;
Is iomadh fear a b' fheàrr na
Mi 'dh'fhàilnich 's a' chùis;
Is iomadh fear a bhàrr orm
Nach d'fhuair a leannan làimh ris—
An ni nach 'eil a'n dàn,
Ciod an stàth 'bhi 'n a dhùil?

Cha bhi mi nis ag innse
Co i 'tha mi 'luaidh,
Ach cluinnear e ri tìm,
'S i 's an tìr so mu 'n cuairt;
Am Fairtrichill Didònaich,
Cha 'n fhaicear bean a bòichead,
'S 'na 'n teannadh i 'n am chòir,
Rachadh fògradh fodh m' ghruaim.

Ach c' àit' am bheil ri 'faotainn
Bean aogais mo luaidh?
Cho fosgarr' ris an fhaoileig
Air aodann nan stuadh;
Gu coimhneil, cridheil, seòlta,
'S i 'shliochd nan daoine còire—
Nis criochnaichidh mi m' òran,
A'n dòchas a buain.

AITE COBHAIR.

Labhair an t-Urr. <eng>T. C. Mellor, Rural Dean, Christ's Church
Rectory, Guysboro, N. S., <gai> mu K. D. C. o chionn ghoirid anns na
briathran a leanas: "Tha mi gle thoilichte bhi comasach air
teisteannas a thoirt mu luach K. D. C. airson cion-cnamhaidh. Bha mi

fulang le droch stamaig, ach leighis K. D. C. mi. 'Nuair a dh' fhairicheas mi e tuilleadh rium, gabhaidh mi K. D. C. agus leighsidh e mi gun dail. Molaidh mi K. D. C. ge b'e àite 'n teid mi."

An urrainnear dearbhadh a's fhearr na so iarraidh. Tha sinn ag radh gur e K. D. C. an leigheas a's fhearr a th' ann air cion-cnamhaidh. Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air tinneasan-cuim, agus ma ghabhar iad eòmhla ri K. D. C. leighsidh iad teanntachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., <eng>Sept<gai>. 1, 1897.

[TD 97]

[Vol. 6. No. 13. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 24 <eng>SEPTEMBER<gai>, 1897. No. 13.

Tir nam Beann.

(Eadar-theangaichte le FIONN.)

O, 's mi nach fhàgadh tir nam beann
'S na càirdean gaoil 'cha chòmhnuidh ann!
O, 'S mi nach fhàgadh gleann an fhraoich
Airson gach ni a tha 's an t-saoghal.
Mo chridhe bochd bhiodh briste, brùit',

Ri tìr nam beann na'n cuirinn cùl,-
Ged 's àluinn, cliuiteach dùthchaibh céin,
Thoir tìr nam beann 's nan gleann domh fein.

Tha m' athair sìnte, fuar 's a' chill,
'S mo mhàthair ri thaobh, 's gu bràth cha till
Le m' chàirdean 's tric a bha mi bròn,
Na dream a dh' eug 's a tha fo'n fhòid.
Ach nis am aonar tha mi caoidh
Na'n laith'n a dh' aom 's nach till a chaoidh,
Ged 's àluinn, cliuiteach dùthchaibh céin,
Thoir tìr nam beann 's nan gleann domh féin.

Ga m' mhealladh their iad rium gu dàn
Gu 'm faigh mi sòlas 'a fois gach là,
'S gur leam gach ni a's feàrr fo'n ghréin,
Ma sheòlas mi gu dùthchaibh céin;
Bidh cridhe briste brùite 'm chom
Ma 's fheudar dhomh dol thar nan tonn;
Ged 's àluinn, cliùiteach dùthchaibh céin,
Thoir tìr nam beann 's nan gleann domh fein.

Gach lus a chi mi thar an tuinn,
'S ann bheir e 'm fraoch 'san roid 'am chuimhn',
'N uair chì mi 'n sud na h-uillt 's na cluain
'S ann dh' eireas tìr mo ghaoil am smuain.
Cha 'n' iognadh mi 'bhi tùrsach, fann,
Ma bheir mi cùl ri tìr nam beann.
Ged 's àluinn, cliùiteach dùthchaibh céin,
Thoir tìr nam beann 's nan gleann domh féin.

Fiosrachadh.

Eisd thus' a nighean 's gun innis mis'
'San òran seo gu fìor dhuit,
Mar chuirear eòlas leat air gaol
Mu 'n toir an cluipear cìs uait:
'Nuair chi thu sùilean sùgach caoin
A' plathadh riut gu fiamhach faoin,
'S a rithist a' dearcadh ort gu mion,
Gu mealltach mear, gu miannach dian,
Cho cinnteach ri do bheatha 's do shaoghal
Bi agad fios gum fac thu an gaol.

Na Spainntich.

Chuir an litir ma dheireadh a sgrìobh "Cona" 'dh' ionnsuidh a MHAC-TALLA mor dhuilichinn orm. Bha mi riamh am barail am measg a h-uile buaidh a bh' air na Gaidheil nach robh aon a bheireadh barr orra am fiughantachd, an deisealachd air a thoillteanas fhein a thoirt do gach neach, ge b'e sluagh d' am buineadh e. Ach 's ann dìreach an so a rinn "Cona" dearmad air dualchas a shinnsridh, agus labhair e mu

na Spainntich briathran a tha 'toirt moran ana-ceartais do 'n fhine ainmeil so. Thuirt e gu robh iad "riamh feineil, ardanach, uaibhreach, gun tuaiream, gun toinisd." 'S i mo bharrail gu bheil "Cona" coltach ri gu leoir eile a tha tamh an Impireachd Bhreatuinn-cha 'n eil moran fiosrachaidh aige mu 'n Spainn no mu 'sluagh, agus 'se a leisgeil a's fhearr a' ghabhas faighinn dha nach b' aithne dha na b' fhearr.

Leigidh sinn seachad an drasd na facail "ardanach agus uaibhreach." Tha ardan is ardan, uabhar is uabhar ann. Cha 'n aithne dhomhsa fine riamh a choisinn cliu nach robh an da chuid ardanach agus uaibhreach, ach cha chuala mi gus an so gu 'm bu choir dha 'bhi 'na aobhar thamailte dhaibh.

Airson na facail "gun tuaiream, gun toinisd," 's gann gu 'm b' urrainn dhaibh 'bhi na b' fhaide bho 'n fhirinn. Tha foghlum na Spainn a' toirt barr air foghlum a chuid a's motha do dhùthchannan na Roinn-Eorpa. 'N uair a bha easbuigean an t-saoghail cruinn 'san Roimh ann an 1870, chuir ard-ionnsachadh nan easbuigean Spainteach ioghnadh air càch gu leir. Tha an dealbhadairean 's an luchd-innleachd eile cho math 's a th' air an t-saoghal. 'S ann aca 'bha aon uair malairt an t-saoghail air fad; 's iad a fhuair am mach a chuid bu mhotha de na dùthchannan ùire 's a chraobh-sgaoil ciall, riaghailt, agus creideamh am measg na treubhah fiadhaich a bha comhnuidh annta.

Tha <eng>Seaman<gai> 'na dha leabhar, <eng>"Progress of Nations"<gai> agus <eng>"The American System of Government,"<gai> a' sealltuinn gu soilleir an eadar-dhealachaidh uamhasaich a bha eadar na Spainntich agus na Breatunnaich ann an America. Tha e ag radh gun do dh' fhiach na Breatunnaich agus na Gearmailtich ris na h-Innseanaich mar nach bu daoine idir iad; cha d' thug iad oidheirp sam bith air an toirt fo laghannan ceart, no gus an staid a leasachadh. Air a laimh eile sheall na Spainntich orra mar dhaoine, mar chreutairean aig an robh anamannan ri 'sabhaladh, thug iad deagh laghannan dhaibh, leasaich iad an staid ann an iomadach doigh; agus air an latha 'n diugh eadar na Stàitean Spainteach agus Brazil tha corr agus 20,000,000 do dh' Innseanaich cho rianach, riaghaltach, 's a's urrainn duine iarraidh le reusan. Anns na Stàitean Geancach agus Breatunnach cha 'n eil ach mu 500,000. Sgriosar as an corr dhiu agus cha 'n eil a sgrios reidh fhathast. 'S tha am beagan a chaidh fhagail moran na 's deireisiche na tha iadsan a tha fo uachdranachd nan Spainteach. A bharr air a so tha <eng>Seaman<gai> ag radh gu bheil na h-Innseanaich 's na dùthchannan Spainteach geamnaidh, gnìomhach, agus measarra; agus air a laimh eile anns a chuid a's motha de na h-Innsean an Iar a tha fo Bhreatunn gu bheil gach obair a' dol air ais.

Cha d' thubhairt "Cona" ni bu chearra na litir na gu robh na Spainntich "feineil." Tha fios aig an t-saoghal gu robh iad riamh ainmeil airson am fiughantachd. 'S ainneamh an dùthaich anns a' bheil nithean saoghalta air an roinn cho math 's cho ceart. Cha 'n eil moran de dhaoine tuilleadh is beartach 's an dùthaich, ach cha 'n eil taighean bhochda idir innte. Cha 'n eil feum orra. 'S

ainneamh an neach a tha 'am fìor eiginn, agus ma bhios a h-aon ann, tha na nabuidhean deiseil gu fuasgladh air.

'S iomadh buaidh a th' air an fhìne chliuteach so nach urrainn dhomh feitheamh ri luaidh; ach bheirinn a chomhairl' air "Cona" beagan eile de dh' fhiosrachadh fhaotainn mu'n sgrìobh e 'n corr mu dheidhinn nan Spainnteach.

MAC-IAIN.

Sept. 21mh, 1897.

A GHAILIG AGUS AN EABHRA—'S aithne dhomhsa duine àraidh Gaidhealach 'tha pòsda ri bean uasal Ghallda. Bithidh an duine so air uairibh a seinn dha fhein rannan dheth chainnt mhàthreil. Thuirt a bhean ris aon là àraidh agus e ris a ghnòthuch so. "B' fhearr leam fein gu'n tugadh thu thairis a bhi ris a chainnt mhosaich sin." Cha robh sud a còrdadh ri cridhe a Ghaidheil, agus 's ann a thuirt e ris fein "Bheir mise ort a bhean Ghallda, gu 'n aidich thusa air doigh eile thaobh mo chainnt uasal-sa." Agus mar sin, an deigh dha a freagairt, ag radh nach robh mosaich 's am bith co-cheangailte ris a chainnt aige-san, dh' fheòraich e dhi "An cuala thu riamh dad de 'n a chainnt Eabhrach, agus ciod e am bheachd a th' agad oirre-sa?" "Thoir dhomh (ars ise) earrann dhi, agus innsidh mi dhut cia mar 's caomh leam i?" Chunnacas a nis gu 'n robh i gu tuiteam anns an an rib a shuidhicheadh air a son; agus thug e dhi le guth cho glan, 's cho suidhichte 's a b' urrainn da na briathran a leanas:

"Bha mi 'n dè 'm Beinn Dorainn,
'S na coir cha robh mi aineolach;
Chunnaic mi na gleanntan,
'S na beanntan a b' aithne dhomh."

"Sin agad a nis (ars ise) cainnt ris an airidh cainnt a radh!"

[TD 98]

[Vol. 6. No. 13. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. IX.

Bha i 'na boirionnach cho maiseach 's nach b'urraim mi gun tlachd a ghabhail dhith a' cheud shealladh a chunnaic mi dhith; agus leis an doigh aoidheil, chaoimhneil anns an do ghabh i rium, ghabh mi orm fhein de dhanadas bruidhinn rithe mar so, "A bhaintighearna, mu 'm freagair mi cheisd a chuir thu orm, ceadaich dhomh a radh gu'm bheil mi anabarrach toilichte gu'n do thachair sinn ri 'cheile. Tha sinn a thachairt ri 'cheile a' toirt faothachaidh dhomhsa o 'n bhron a tha mi 'fulang; agus ma dh'fhaoidte gu'n toir e cothrom dhomh air thu

fhein a dheanamh ni's sona na tha thu."

Dh'innis mi dhi mar a fhuair mi am mach far an robh i; gu'm bu mhac righ mi, ged nach robh a' bheag dhe 'choltas orm ri m' fhaicinn; agus thuirt mi rithe gu'm b'e am fortan fhein a stiuir mi a dh' ionnsuidh a' phriosain anns an robh i; agus ged a bha 'n t-aite 's an robh i 'na aite-comhnuidh maiseach, nach robh a' chuis coltach gu'n robh i toilichte ann.

"Ochan! a phrionnsa," ars ise 's i deanamh osna, "tha thu ceart gu leor an uair a tha thu 'smaointean gu'm bheil mi sgith de 'n aite-chomhnuidh mhor, mhaiseach so; cha 'n 'eil tlachd sam bith aig daoine de 'n aite a's maisiche 's a's fhearr air an t-saoghal an uair a tha iad air an cumail ann an aghaidh an toile. Feumaidh gu'n cuala tu iomradh air Epiteirus, righ eilean Ebene. Is mise nighean an righ sin. B'e toil m' athar mo thoirt ri m' phosadh do mhac a pheathar; ach, oidhche na bainnse, an uair a bha maithean na cuirte agus sluagh a' bhaile gairdeachais, thug fathach air falbh mi. Chaill mi mo mhothachadh anns an am, agus an uair a thainig mo mothachadh ugam, bha mi anns an aite so. Fad uine mhoir bha mi anabarrach trom, tursach; ach mu dheireadh b' eiginn domh feuchainn ri mi fhein a dheanamh riarachtaid le m' staid, agus gabhail ris an fhathach a h-uile uair a thigeadh e. Mar a dh' innis mi dhut mar tha, tha mi coig bliadhna fichead anns an aite so, far am bheil, tha mi 'g aideachadh, gach ni agam a b'urrainn domh iarraidh a chum mo dheanamh comh-fhurtaid araon ann am biadh 's an aodach. Tha 'm fathach a' tighinn an so uair 's na deich latha, agus a' cur seachad na h-oidhche comhladh rium. Mar leith-sgeul air son nach 'eil e tighinn ni 's trice tha e ag radh gu'm bheil e posda ri te eile, agus gu'm biodh i ag iadach ris nam biodh fhios aice gu'm bheil e 'tighinn an so far am bheil mise. Ach ma 's math leam e thighean aig am sam bith de'n oidhche no de 'n latha, foghnaidh dhomh an glag-draoidheachd ud aig an dorus a bhualadh, agus bidh e an so ann an tiotadh. Is e'n diugh an ceathramh latha o 'n a bha e an so, agus cha 'n 'eil duil ris gu ceann sia latha eile. Ma thogras tusa, faodaidh tu fuireach coig latha a chumail cuideachd riumsa, agus feuchaidh mi ris gach caoimhneas is urram 'nam chomas a nochdadh dhut."

O'n a bha mi 'g am mheas fhein gle fhortanach a' leithid so de dheadh thairgse 'fhaighinn gun iarraidh, cha do dhiult mi i. Thug a' bhana-phrionnsa orm a dhol do sheomar faragaidh mor', maiseach, nach fhaca mi riamh ni b'fhearr; agus an uair a thainig mi am mach, an aite an aodaich a chuir mi dhomh, fhuair mi deise riomhach a dh'fhaodadh prionnsa sam bith a chur uime. Thug so toileachadh mor dhomh, cha b'ann a mhain a chionn gu'n robh an deise luachmhor, ach a chionn gu'n robh mi ann an eideadh freagarrach air son suidhe ann an cuideachd na bana-phrionnsa.

Shuidh sinn greis a chomhradh ri 'cheile. An deis dhuinn crìoch a chur air a' chomhradh a bh' eadrainn, dh' eirich ise, agus chuir i biadh dhe gach seorsa a b'fhearr na cheile air a' bhord. Shuidh sinn aig a bhord agus an deigh dhuinn na thainig ruinn de 'n bhiadh a ghabhail, chuir sinn seachad na bha romhainn de'n latha le mor

thoilinntinn.

Air an ath latha rinn i gach ni a ghabhadh deanamh a chum gach toileachadh a thoirt dhomh. Aig am na dinneireach thug i steach botul de sheann fhion cho math 's a bhlaist mi riamh. Gus mo thoileachadh, dh' ol i beagan de comhladh rium. An uair a dh' fhas mi blath leis an fhion thuirt mi rithe, "A bhana-phrionnsa mhaiseach, tha thu tuilleadh is fada air do thiodhlacach beo anns an aite so. Cuir cul ris an aite so, agus falbh comhladh rium fhein far am faic thu solus an latha, a chum gu'm bi saorsa is toileachadh agad nach robh agad o chionn iomadh bliadhna."

Le fiamh gaire air a gnuis thuirt i, "A phrionnsa, na bi bruidhinn air a leithid de ni. Ma dh' fhanas tu naoi latha dhe na deich comhladh rium an so, agus gu'n leig thu leis an fhathach a bhith comhladh rium gach deicheadh latha, is e gu mor is roghainniche leam na falbh a so."

"A bhana-phrionnsa," arsa mise, "is e an t-eagal a th' ort roimh 'n fhathach a tha 'toirt ort a bhith bruidhinn mar sin. Air mo shon fhein dheth, cha tugainn sop air. Bristidh mi an glag-draoidheachd 'na bhloighean. Thigeadh e; tha mise deas air a shon ciod sam bith cho laidir, treun 's a tha e ceansaichidh mise e. Tha mi 'toirt m' fhacail dhut gu'n cuir mi as do na h-uile fathach a th' air an t-saoghal."

O'n a bha fhios aice-se gu math mar a dh' eireadh dhomh, ghuidh i orm gu durachdach gun mi bheantuinn do'n ghlag-draoidheachd; "oir ma bheanas tu dha," arsa ise, "cuirear mi fhin 's tu fhein a dhith. Tha fios agamsa air cumhachd nam fathach ni 's fhearr na th' agadsa."

Bha mi air fas cho blath leis an fhion aig an am 's nach tug mi cluas do na briathran a labhair i. Dh' eirich mi o'n bhord, bhual mi breab air a' ghlag-draoidheachd, agus bhris mi e.

Cha bu luaithe a bhristeadh an glag-draoidheachd na dh' fhairich sinn an luchairt a' dol air chrith. Shaoil sinn gu'n robh i a' dol a thuiteam m' ar cinn. Chunnaic sinn dealanaich, agus chuala sinn fuaim eagalach, mar fhuaim thairneinich. Chuir am fuaim so a leithid a dh' eagal orm 's gu'n d' fhas mi cho fuar 's ged nach olainn deur fiona. Agus thuig mi gu'n d' rinn mi gnothach gle ghorach.

"A bhana-phrionnsa," arsa mise, "ciod is ciall dha so?"

Mhottaich mi gu'n robh i air chrith le eagal an uair a fhreagair i mi 's a thuirt i, Mo leireadh! tha thu cailte mur grad theich thu."

Ghabh mi a comhairle, ach leis an eagal 's leis a' chabhaig, dhichuimhnich mi an tuadh agus an sugan thoirt leam. Ghabh mi suas an staidhre cho luath 's a b'urrainn mi, agus mu 'n gann a bha mi air a barr, dh'fhosgail an luchairt, agus thainig am fathach a steach.

Thuirt e ris a' bhana-phrionnsa, agus e ann an corruich mhoir, "Gu

de 'thachair dhut, agus c'ar son a ghairm thu orm?"

"Bhuail goirteas anns an stamaic mi, agus gus mi fhein a leigheas thug mi lamh air a' bhotul fhiona so. Dh' ol mi beagan dheth uair no dha, agus le tuiteamas bhuaill mi an glag-draoidheachd, agus bhristeadh e; sin mar a bha," ars' ise.

An uair a chual' am fathach so, thuirt e rithe, "A dhroch bhean, tha thu ag innseadh nam breug. Co aig a bha'n tuadh ud an sid?"

"Cha'n fhaca mise iad gus a so," ars ise. Is docha gur ann 'na do luib fhein a thainig iad a steach. O'n a bha leithid de chabhaig ort a' tighinn, ma dh'fhaoidte gu'n d' thug thu leat iad gun fhios dut."

Gun tuilleadh a radh rithe thoisich e ri gabhail oirre 's ri toirt maslaidh dhi. Cha b'urrainn domh eisdeachd ris an droch dhiol a bha e 'deanamh oirre. Chuir mi dhìom an deise mhaiseach a thug i orm a chur umam, agus o'n a chuir mi m' aodach fhein aig bar na staidhreach an latha roimhe sin gus a bhith deiseil ri m' laimh an uair a bhithinn a' falbh ghrad chuir mi umam e. Ghreas mi am mach, dhruid mi an dorus-falaich, agus chuir mi an uir air a mhuin mar a bha e roimhe.

Bha mi anabarrach diombach dhìom fhein air son mar a thug mi le mo ghoraiche fhein a leithid de chruaidh-fhortan air an aon bhoirionnach a b'aille snuaidh 's bu tlachdmhoire anns gach doigh, a chunnaic mi riamh mu choinneamh mo dha shul.

"Tha e fìor gu leor," arsa mise rium fhein, "gu'n robh i druidte anns taigh-fò-thalamh so o chionn choig bliadhna fichead; ach ged nach robh a saorsa aice, cha robh eis ni sam bith oirre a bhiodh feumail dhi. Chuir mise le mo ghoraiche crìoch air gach toileachadh a bh' aice, agus bhrosnaich mi 'na h-aghaidh an creutair a's neo-ìochdmhoire a th' air an t-saoghal."

[TD 99]

[Vol. 6. No. 13. p. 3]

Thill mi do'n bhaile leis an eallach chonnaidh. Bha aobhneas mor air an taillear an uair a chunnaic e mi. Agus an deis dha failte chridheil a chur orm, thuirt e, "Bha mi fo mhor dhragh-inntinn o'n a dh'fhalbh thu, gu h-àraidh o'n a dh' innis thu dhomh co thu. Bha eagal orm gu'n d' fhuaradh am mach e; ach buidheachas do Dhia gu'n d' thainig thu."

Thug mi taing dha air son a' churaim a bh' aige dhìom, agus air son a' chaoimhneis a nochd e dhomh. Ach cha d'innis mi dha c'aite an robh mi fad 's a bha mi air falbh no cìod a bha 'gam chumail. Cha mho a dh' innis mi dha mar a chaill mi an tuadh.

Chaidh mi do m' sheomar fhein, agus chain mi mi-fhein gu math 's gu ro mhath air son mo ghoraiche. "Bha mi fhein 's a' bhana-phrionnsa

air a bhith cho sona 's a' tha'n latha cho fada, mur b'e gu'n do bhrìst mi an glag-draoidheachd," arsa mise rium fhein.

(Ri leantuinn.)

Gnothaichean an t-Saoghail.

Tha na Stàitean araon lionmhor, leathunn agus cumhachdach. Tha aobhar againn ann an Canada a bhi taingeil nach eil ar coimhearsnaich deigheil air cogadh agus stri nan lann air machair 'us faiche 'n air-ni iad ball-sgairreachd air uairibh, agus bithidh othail 'us upraid ann an rioghachd no dha, do bhrìgh gu bheil ard-uachdaran nan Stàitean a' labhairt gu h-uaibhreach ard. Tha coir aig gach dùthaich air gach ni 's cothrom a bhuineas gu dligheach di. Is ceart a tha i, 'nuair a tha i 'g amharc gu pongail, curamach an deigh gach fearainn 'us ionmhais, 'us loch, 'us aimhne, 'us eisg, 'us roin a tha na crìochan. Fhuair na Stàitean a chuid a b' fhearr ann an iomadh cuis a bha eadar iad fein agus Breatunn mu dheibhinn Chanada. O'n thainig roinnean Chanada le cheile, tha sinn a toirt aire gu mor na's fhearr do gach ni's coir 'us crìoch a bhuineas duinn fein, agus cha 'n ann gun oidheirp dhuineil, laidir a dheanamh airson ceartais fhaotainn a bheir sinn suas no seachad loch no camus, creag no comhnard, craobh no cruinneachd. Tha sinn aig an àm so fein air ar lionadh le ioghnadh do bhrìgh gu bheil òr 'us airgiod 'g an nochdadh fein eadhon ann an ionadan iomallach ar dùthcha. Is beag a shaoil sinn riamh gu bheil pailteas oir anns a' chearna de Chanada 'tha fada air falbh anns an iar-thuath, agus far am bheil sneachd 'us reothadh, 'us creagan, 'us sruthan gaireach, 'us fasaichean mora neo-thorrach. B' àbhaist do dhaoine 'tha fìor-eolach air òr 's air gach maith 'us innleachd a tha dluth-cheangailte ris, a bhi 'g creidsinn gu sguireadh saobhreas pailt an oir. Tha 'n òr bog. Caithidh e air falbh ann an uine ghearr. Tha de neamhnuidean 'us de cluigeinean, 'us de shoithichean beaga 's mora air an deanamh de 'n òr; air chor agus gu bheil feum air moran oir air feadh an t-saoghail gach bliadhna. Co a's urrainn beachd dhìong-mhalta 'ghabhail air pailteas anabarrach an oir a tha ann an Claondaic, ann an cnuic 's an glinn Cholumbia, 's ann an airde 'n iar Ontario. Bu mhaith le 'r coimhearsnaich nam bitheadh comas aca air doigh air bith greim a dheanamh air cuibhrionn de 'n dùthaich againn a tha dluth air Alasca. Gleidhidh sinn gu curamach, foirmeil, 'us le gaisge neo-sgathach, gach ionmhas air muir 's air tìr, gach òr 'us airgiod, gach iasg 'us ron, gach clach luachmhor, 'us achadh boidheach, torrach, a tha ann an luib Chanada. Ged tha air uairibh moran amaideachd 'us blaomaireachd air an nochdadh 's air an labhairt le àireamh gobach anns na Stàitean, is ann bho na sinnsirean ceudna 'thainig iadsan agus sinne. Tha sinn a' labhairt na canaine cheudna, 's is gnath leinn a bhi faotuinn eolais 'us toileachadh ann an eachdraidh, 'us gnìomharan 'us abhaistean nam fineachan calma, treubhach a bha lionmhor lamhach air taobh thall a' chuain anns na linntean aosmhor a bha 's a dh' aom. Bhitheadh e narach 'us maslach nam bitheadh gu brath tuille cogadh no spairn nan sleagh 'us nan claidheamh no teine mhillteach nan cabhlach eadar na Stàitean agus Canada. Ach a chum gu bi meas mor againn air a cheile

daonnan, thig e dhoibhsan a bha dìreach, onarach, cairdeil, 'us gun a bhi aon chuid carach no cuilbheartach tuille. Bheir sinne ar gealladh seachad nach iarr sinn ach ar cuid 's ar coir fein. Ni sinn dìchioll air a bhi uasal, firinneach, cairdeil, guamach, teoma 'n ar coimhearsnachd leis na Stàitean 'us le rioghachdan an t-saoghail gu leir.

O'n nach eil moran feoir no fochainn, arbhair no cruinneachd ann an Columbia no an Claondaic far am bheil sluagh lionmhor a' trusadh agus a' cladhach an oir, tha margadh gasda mar so air fhosgladh airson na spreidhe 's nan caoraich reamhair a tha 'n am miltean ann an comhnardan feurach na h-Iar-Thuath. Tha margadh gasda mar an ceudna anns na h-aitean ud airson cuibhrionn mhor de 'n chruinneachd reachmhor a tha 'cinntinn gu cruaidh brioghmhor ann an airde 'n Iar Chanada. Feumaidh Canada dol air a h-aghaidh le ceum deifireach, cinnteach, ann am beartas a thrusadh: ann an sonas 'us maoin fhaotainn: agus ann an comas air gnìomharan beusach, maith, 'us cliuiteach a dheanamh. Faodaidh gach neach aig am bheil slainte 's neart 'us tapachd teachd-an-tir saoi bhir, samhach a chosnadh ma nochdas e stuaim, 'us dìchioll iomchuidh. Co aig am bheil fios air gach ionmhas luachmhor a tha am farsuingeachd uamhasach, uaigneach, Iar-Thuath Chanada. Tha iomadh mìle de fhearainn torrach, ard air nach eil eolas fathast againn. Ma dh' fhaoidte gu bheil òr, 'us airgiod, 'us gual r' am faotuin gu furasda 'us gu ro-phailte ann an ionadan far nach robh duine geal riamh. Aidichidh sinn gu toileach gu bheil ar luchd-riaghlaidh a' gabhail dragh 'us curam glic: a chum gu faigh Canada agus a daoine fein, mar is cubhaidh doibh, coir 'us sealbh a bhuineas gu dligheach doibh, air gach òr 'us ionmhas, air gach coirce 's cruinneachd, air gach damh 'us caora, air gach each 'us muilead, air gach gobhar 'us meann, bho chuan na h-Airde 'n Iar, gu cuan na h-Airde 'n Ear.

CONA.

Pic-nic S. W. Margaree.

Air an ochdamh agus an naoidheamh latha de Sheptember, bha pic-nic mhor, eireachdail aig muinntir paraisde <eng>S. W. Margaree.<gai> Seachdain no dha romh 'n àm, rinn mi-fhéin suas m' inntinn gu 'n rachainn d'a ionnsuidh; cha 'n fhaigh mi an tigh 's am baile fhagail ach ainneamh, agus smaointich mi gu 'm bu bheag an toileachadh domh fhìn 's do Mhàiri, latha no dha chur seachad maille ri 'r cairdean air a' chruinneachadh so.

Chaidh sinn a chadal tràth an oidhche romh 'n àm, agus mar so chaidh againn air éirigh moch an lath-ar-na-mhàireach, tacan math ma 'n do bhlais an t-eun air an uisge. Bha mi fhéin a cuir air doigh mar a b' urrainn mi; ach leis a' chabhaig agus a chàil a bh' agam faighinn air falbh, cha 'n amaisinn air car ceart a dheanamh, bha mi a smaointinn gu 'r ann bha cùisean a dol am aghaidh-an fheusag fhéin theab nach nach gabhadh i toirt a nuas, agus an t-each donn a b' àbhaist seasamh cho socrach 'nuair a dh' eibhinn "Tom," co ach esan, shaoileadh sibh gu 'r seann "Mhontreal" a bh' ann. Chuimhnich mi mar

a dh' eirich do 'n Eirionnach 'nuair shaoil leis a bhith air muin na muice 's ann a bha e lamh rith' anns a lub. A dh' aindeoin gach cùise fhuair mi deiseil 'an am gle mhath, ach ged' a fhuair cha robh Màiri leathach,—theab nach sguiridh i 'ga dreasadh fhein, bho rùm gu rùm, bho sgàthan gu sgàthan, cha robh math guth a ràdh; ach gu dearbh bha i coimhead taghte math 'nuair bha i ullamh, agus bha mi toilichte airson na foighidinn a rinn mi—'s ioma trudar nach deanadh i.

Dh' fhalbh sinn; bha i fhathast tràth, cha robh a' ghrian ach ag éirigh. Bha maduinn ann cho taitneach 's a b' urrainn a bhith—obair naduir cho muirneach agus maiseach air gach taobh; bha mi bait' 'an ioghnadh 's an aoibhneas; thoisich mi air smaointeachadh 's air meorachadh 's air cuir bhriathran an eagamh a cheile 'an cuma bardachd, rud nach d' rinn mi riamh roimhe.

“Ged tha mo cheann air liathadh
'S mo chiabhagan air tanachadh.”

'Nuair a dh' fhoighneach Màiri an ann a' fas faoin a bha mi, so a fhreagairt a fhuair i:—

Anns an tràth—mhaduinn ghluais mi,
Ghabh mi suas tromh Mharg'ree;
Bha m' inntinn lan sòlais
'G amharc bòidhchead gach ni;
'Ghrian ag éirigh gu boisgeant',
'Sgaoileadh caoimhneas 'san tìr,—

(Air a leantuinn air taobh 102.)

[TD 100]

[Vol. 6. No. 13. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad—san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 24 SEPTEMBER, 1897.

Deas Fhreagairtean.

Tha e air aithris gu 'n robh dithis bhraithrean, agus an dara fear da 'm b' ainm Iain no Eoin fo'n ruaig air son ni eigin a rinn e as an rathad. Cha robh neach a làthair a dh' aithnicheadh e ach a bhràthair fhein; agus bha 'm bràthair sin air a mhionnachadh gu 'n innseadh e air, no gu 'n comharraicheadh e mach a bhràthair do 'n luchd-tòrachd na'n tigeadh e 's an rathad. Air dha 'bhràthair fhaicinn a tarruinn air falbh ann an eathar, sheinn e an rann a leanas; oir bha e air son a mhionnan a choimhlionadh gun a bhràthair a bhrath. Agus air dhoibhsan smuaineachadh gu 'n robh e faicinn fhaoileagan no eòin eile dhe 'n t-seòrsa, cha do chuir iad umhail sam bith:

"Chi mi e 's cha cheil mi e,
'S air mhìle bonn cha bhrath mi e,
Chi mi Eoin a snàmh air sruth,
Sud agaibh e, is beiribh air."

Bha duine a bha ro theoma air guidheachan a falbh an rathaid ann an carbad. Chuir clach a bha 'san rathad, maille air a charbad aige. Ghlaodh e ri seann duine a bha goirid uaithe, e thogail na cloiche 's a tilgeil a dh' ifrinn. "Cha tilg," ars an seann duine gu socair, 's e ga togail 's ga tilgeil a leiththaobh, "air neo na'n tilgeadh, dh' fhaodadh i bhith rithist na do rathad."

A DEANAMH A TRI AS NA DHA,—Tha e air aithris air duine araidh aig nach robh sgoil 's am bith e fhein, gu'n do chuir e 'mhac do 'n chollaisd gu àrd fhoghlum a thoirt da; agus air do'n ghille tighinn dhachaidh aig am àraidh, dh' fhoidhnich 'athair dheth agus iad a suidhe gu 'm biadh, cia mar a bha e faighinn air adhart 'sa chollaisd no 'm b' urrainn e dearbhadh 's am bith a thoirt seachad air ard sgoilearachd, a thuigeadh daoine gun fhoghlum coltach ris fhein agus ri 'mhathair, (agus amhrus aig an t-seann duine nach robh 'n gille a toirt uiread aire do 'n sgoil 's bu chòir dha). Ars an gille 's e sealltuinn mu'n cuairt da, 's a faicinn da thunnaig ròst air a bhòrd: "Nan dearbhainn dhuibh gu 'm bheil tri eòin an sin an aite na dha a tha sibhs' a faicinn, nach biodh sibh riarichte?" "Bhitheadh gu'n teagamh" ars athair. Chuir an gille an sin aon do na h-eòin an dara taobh; "Sin agaibh aon," ars' esan. "Ceart," ars' athair. Chuir e 'n sin na dha maile ri cheile rithisd: "Tha dha an sin," ars esan, "agus nach e aon agus a dha trì?" "'S e gun teagamh ars' athair, 's math a fhuaras thu." Goirid an deigh sin thoisich a mhàthair air na h-eòin a roinn. Chaisg athair i ag radh: "Cha leig thusa leas' a bhean chòir, na h-eòin a roinn agus gun againn ach trìuir; rinn sgoileireachd do mhic na h-uiread sin a dh' fheum dhuit

mar tha; bheir mise leam am fear so (agus e toirt leis an dara fear), agus biodh am fear beag sin agad fhein, agus fagamaid an tritheamh fear aige-san slàn airson a sgoiltaireachd. Cha d' fheuch an gille 'n dòigh cunntaidh so a riamh na dheigh timchioll air a bhòrd.

DH' FHALBH E.—Bha Iain 'na sheann duine a bha gle gheur, ach cha robh e idir còir. Bha e 'fuireach leis fhéin, agus aon latha air dha biadh math a dheanamh, shuidh e sìos g'a ghabhail, ach dìreach 'nuair a rinn e sin, thainig nabuidh dha a stigh 's fhad 'sa bha Iain ag ithe bha e geur-amharc air. Cha robh toil aig Iain iarraidh air a nàbuidh falbh, 's cha mho a bha toil aige greim a thoirt dha. "A Dhomhnuill," ars esan, "am bheil fhios agadsa carson nach eil mise cumail coin?" "Ma ta, gu dearbh, cha 'n eil," arsa Domhnull. "Ma ta, innsidh mise dhuit car son; cha 'n urrainn dhomh greim bidh a ghabhail gun e bhi 'gam amharc an clàr an aodainn, agus sin rud a's lugha orm a chunnaic mi riamh." Thuig Domhnull gu de bha dhith air Iain, agus dh' fhalbh e.

Tha e coltach gu bheil cùisean gu bhi air an réiteach eadar an Tuirc 'sa Ghréig mu dheireadh thall. Tha na rioghachdan mora ri dhol an urras air a' Ghréig gu'm pàigh i a cuid fhiachan, tha suim airgeid ri bhi air a phàigheadh d' an Tuirc, agus tha aig na Turcaich ri Thessalay fhàgail air ball. 'S ann mar so a bha Morair Salisbuay ag iarraidh a chùis a réiteach o chionn faada, ach gus o chionn gle ghoirid, cha toireadh càch éisdeachd dha.

Tha an sluagh anabarrach bochd ann an Eirinn air an fhoghar so; tha an t-uisge an deigh gach bàrr a mhilleadh, agus tha gaoid anns a' bhuntata a tha 'n deigh a chur bho fheum gu buileach. Mur faigh iad cuideachadh, cha'n eil dòigh aig mòran de 'n t-sluagh air iad fhéin a chumail beò. Cha robh an dùthaich ann an suicheachadh cho bochd o chionn leth-cheud bliadhna.

Thatar ag radh an dràsda gu bheil <eng>Sir Oliver Mowat<gai> gu bhi na riaghladair air Ontario, agus gu bheil an t-Onarach Daibhidh Mills gu bhi na Mhinisteir Ceartais 'na àite-san.

Anns an àireamh mu dheireadh agus anns an àireamh so, gheibhear an da chaibideil sin de na "Sgeulachdan Arabianach" a bha air chall oirnn.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàilllearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann laraich,

ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni
e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. <eng>Feb.<gai> 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart
phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada.
Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig
Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 101]

[Vol. 6. No. 13. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha <eng>Sir Wilfrid Laurier<gai> gu bhi ann a Halfacs air an t-seachdain s'a tighinn. Ruigidh e am baile Dior-daoine, agus bidh e ann gu feasgar Di-haoine.

Tha an t-side car fliuch o chionn treis a dh' ùine air ais, agus tha e gu math doirbh do na tuathanaich an cuid buana a dheanamh. Tha sinn an dòchas gu 'n tig side na 's fhearr, agus gu faighear an t-arbhar a ghearradh 'sa chur fo dhion an ùine ghoirid.

Bha stoirm mhor ann feasgar agus oidhche Di-màirt, agus fhuair am bàt-aisig an t-slighe eadar so us Sidni Tuath doirbh gu leòr. An deigh na dinnearach cha deach i gu laimhrig Victoria ach aon uair; bha an t-uisge tuilleadh us garbh aig beul na h-acarsaid. Thainig am <eng>Marion<gai> a stigh am feargar sin, agus bha àireamh mhor dhiubhsan a bha 'gabhail an turuis oirre gle thinn.

Tha an t-Ard-Riaghladair agus a bhean a tigh'nn do Cheap Breatunn gun teagamh sam bith. Tha iad gu tighinn air a' cheud seachdain de 'n mhios s'a tighinn, agus tha dùil ri iad a thaghal ann an ceanna-bhailtean nan ceithir siorrachdan, agus ann an àireamh de na bailtean eile. Tha sinn an dòchas gum bi turus math aca, agus gu 'n còrd Ceap Breatunn riutha mar a tha e còrdadh ris a mhor-chuid dhiubhsan a tha tigh'nn ann, agus nach bi 'n ùine fada gus an tig iad air sgriob eil' ann.

Bha réis bhàtaichean-seòlaidh aca ann an <eng>Orangedale<gai> air an ochdamh latha dhe'n mhios so. Fhuair Domhnull MacFhionghain a cheud duais, agus Niall Mac Neill an darra duais. Bha réis aca' m bliadhna roimhe-air latha na h-Iubili-agus bidh réis eile aca ann an Nobhember. Bha comunn air a chur air chois toiseach an t-samhraidh air son na réisean so a chur air adhart, agus cha 'n eil teagamh nach dean iad an obair air dhoigh 's gu 'm bi na réisean a chum math luchd nam bàtaichean agus 'nan toileachadh dhaibhsan a bhios ag amharc orra.

Tha muinntir Shidni a' cur rompa fàilte chridheil a chur air Iarla Abaraidhean 's air a Bhain-tighearna 'nuair a thig iad. Tha ceud us coig dolair fhichead air a chur air leth leis a' bhaile air son ullachadh a dheanamh air an son, agus tha na saor-dhionadairean ri bhi air an toirt a mach gu dhol 'nan cainneamh a reir gnàth an airm, 's gu bhi 'nan geard aca. Bu chòir do gach neach 'sa bhaile 's anns an t-siorrachd na b' urrainn daibh a dheanamh air son beatha 'n Ard-Riaghladair 's na Bain-tighearna a dheanamh gu math air an ceud chuairt do cheanna-bhaile Cheap Breatunn.

Chaidh da shoitheach-smùide a chall air cladach <eng>Newfoundland,<gai> eadar <eng>Cape Race<gai> us <eng>St. John's,<gai> oidhche Di-haoine s'a chaidh. Bha te dhiubh, an <eng>"Rhodora,"<gai> air a turus eadar Sasuinn us Philadelphia; chaidh i air chall anns a' cheò, agus mu'n robh fhios aca-san a bh' air bòrd c' àite 'n robh iad bhuaill i air na creagan aig <eng>Horn Head,<gai> agus chaidh a spealgadh as a chéile. Fhuair an sgioba uile, coig duine fichead, air falbh anns na bàtaichean, agus mu thri mionaidean an deigh dhaibh a fàgail spraidh na goileadairean, agus chaidh an soitheach 'na teine, agus 's e gle bheag dhi a dh' fhàgadh air uachdar an uisge. Bha an sgioba anns na bàtaichean fad na h-oidhche agus pàirt dhe 'n ath latha, gun bhiadh, gun deoch, agus cuid dhiubh air gle bheagan aodaich. Thainig soitheach-smùide eile 'nan rathad a thug leatha iad. Mu 'n àm cheudna bha soitheach eile, an <eng>"Eugenie,"<gai> a bha tigh'nn gu <eng>Louisburg<gai> á <eng>Shields,<gai> air a bristeadh air na creagan mu dheich mìle fichead a tuath air <eng>Horn Head.<gai> Fhuair an sgioba iad fhéin a shàbhaladh, agus dhirich iad gu mullach creige far an robh iad gus an d' fhuair iad cuideachadh bho thir.

Bha an t-iasgach gle mhath ann an Labrador, air a' bhliadhna so, ach bha e gle dhona ann an <eng>Newfoundland;<gai> bha an t-iasg gann, agus cha robh pris a b' fhiachd air idir.

Tha soitheach cogaidh, ùr d'an ainm an <eng>Renown,<gai> air tigh'nn gu Halifax, an soitheach-cogaidh a's briagha thainig riamh thar a' chuain. Tha i gu bhi aig an admiral, an àite a' Chrescent, a tha air a dhol air ais do Bhreatuinn.

Thainig boirionnach òg a mhuinntir <eng>New York<gai> gu <eng>Montreal<gai> a sheachdain gus an Di-sathairne s'a chaidh, agus ghabh i seòmar ann an tigh-òsda. Cha do bhruidhinn i ri duine, ach air dhi a dhol d'a seòmar, ghabh i puinnsean, agus an ceann beagan ùine fhuair iad marbh i. Cha 'n eil fhios ciod a b' ainm dhi.

Tha aon de phaipearan Thruro a' toirt iomradh air fear Micheil Bennett a dh' fhalbh á Seana Bhrìdgeport gu dhol gu ruige Clondaic. Chaidh e cho fada ri Boston, agus an deigh dha seachdain no dha a chur seachad am measg a luchd-eolais ann an sin, thill e dhachaidh, agus tha e 'g obair anns a' mhèinn-ghuail mar a bha e roimhe.

Thainig <eng>Lieutenant Peary<gai> agus a chuideachd air ais as an àirde Tuath Di-luain s'a chaidh, an deigh dhaibh a bhi air falbh mìos agus fichead latha. Bha an t-side gle dhoirbh aca air an

tilleadh agus bha beagan millidh air a dheanamh air an t-soitheach, ach bha gach neach sàbhailte gu leòr. Bha iad a' losgadh an tunna mu dheireadh dhe 'n cuid guail 'nuair a rainig iad Sidni Tuath, agus 'nam biodh an turus beagan na b' fhaide, bhiodh e mach buileach. Shoirbhich leotha air an turus gu math. Fhuair iad an dreag <eng>(meteor)<gai> mhor a bha aig <eng>Cape York<gai> a thoirt dhachaidh leotha. Tomhaisidh i faisg air ceithir fichead tunna, agus thatar ag radh gu 'n do thairgeadh coig mìle fichead dolair do <eng>Pheary<gai> air a son le muinntir tigh-ioghnaidh ann an <eng>New York.<gai> Bha àireamh de dh' Escimos aca air bord, a tha dol a bhi anns na Staitean fad a' gheamhraidh; tillidh iad d' an dùthaich fhéin air an ath shamhradh còmhla ri Peary, a tha cur roimhe sgriob eile thoirt d' an àirde Tuath.

Luchd-leanmhuinn Bhudda.

Tha luchd-leanmhuinn Bhudda 'n an daoine tuigseach. Dh' fhaodadh iadsan le firinn labhairt rinn mar so. Tha sibh a' cur a' chreidimh Chriosduidh d' ar 'n ionnsuidh-ne, agus mu'n urrainn duinn creidsinn ann feumaidh sinn dealachadh ri iomadh ni a tha measail agus lauchmhor 'n ar sùilean. Ach gu dé tha sibh féin a' deanadh? Tha sibh ag iarraidh oirne dealachadh ri fasain agus cleachduinnean a bh' aig ar n-athraichean romhainn fad iomadh linn, ach cha dealaich sibh féin ri cleachduinn sam bith a chuireadh air bonn le 'r n-athraichean. Gu de na tha sibh a' toirt seachd d' ar cuid a chum anama a shaoradh? Sgillinn no punnd Sasunnach! agus tha ochd fichead agus deich d' ur n-eaglaisean nach 'eil a' toirt seachd dad idir! Tha sibh ag ràdh gur cealgairean sinne. Ach tha sinn a' toirt breth oirbh féin a réir ur deanadais agus tha sinn ag iarraidh oirbh gu nochd sibh cumhachd a' chreidimh Chriosduidh annaibh féin mu 'n tig sibh far am bheil sinne.

POSADH.

Ann an Sidni, air Di-màirt, an 21mh latha dhe'n mhios, leis an Urr. I. F. Forbes, Niall Mac Fhearghais, taillear, us Anna Nic Gillfhinnein, nighean do Dhonnachadh Mac Gillfhinnein nach maireann.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.30

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prisean ura.

A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 102]

[Vol. 6. No. 13. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 99.)

Bha cuid ghathanan blàtha
Ruigheachd àraidh gach glinn.

Sud a mhaduinn bu chiuinn leam
'S an driuchd feadh an fheòir,
'Na ghriogagan mìne
Glan, riomhach gu leòir;
Bha gach flùran a b' àillidh
A' cur fàilt mar bu choir,
Air a' mhaduinn ghil, àluinn
'Bha toirt cail dhaibh 'us treoir.

Bha na h-eoineanan beusach
'Cur an céill an cuid rann,
Iad gu h-ioraltach, spòrsail,
Air feadh ògan 'us chrann;
Dh' éirich m' inntinn le sòlas,
Dh' fhalbh gach bròn 'uam 'san àm;
Chaidh gach trioblaid air diochuimhn',
'Sa h-uile deuchainn a bh' ann.

Bha sinn a nise teannadh air ait' a' phic-nic, agus b' fheudar sgrur.
"S fhada bho 'n chuala tu Mhàiri," arsa mi-fhéin, "na 'm bitheadh
an t-earball na bu ruighne, bhiodh an sgeulachd na b' fhaide." "Cha
deachd! Cha deachd!" thuirt Màiri, "agus tha mi 'n duil, 'gu 'r
ceannachd air an ubh a' ghogail." Bha so searbh ri eisdeachd, ach
b' fheudar cur suas leis.

Cheannaich mi <eng>tickets<gai> bho fhear de na gillean beulach a
bh' ann am bothan beag ri taobh an rathaid, ach spion fear laidir,
ruadh bhuam iad aig a' gheata. Theann mi ri greadadh thoirt air
airson mar a rinn e; ach leis cho éibhinn 's a labhair am fear
leathainn, glas a bha na sheasamh comhla ris, smaointich mi gu 'm bu
cho math dhomh cumail air adhart gun ghuth a ghràthainn.

Rainig sinn a' làrach. 'S e àite cho freagarrach airson pic-nic 's a
chunnaic mi riamh; cnoc ard, fradharcach air baile Mhr. Collins,
beagan cheudan slat o'n abhainn. Ma 'r coinneamh agus lamh ruinn bha
'n eaglais agus tigh an t-sagairt, agus dlùth dhaibh chiteadh
bailtean nan Camshronach, Cloinn-Phàrlain, 's nan Domhnullaich le 'n
cuid intervallan bòidheacha, gorma, 's le 'n talmhanan arda,
socrach, réidh. Air ar culthaobh, agus ann an astar, chiteadh na
cnocan arda sin a tha deanamh na crìch eadar an cobh 's an abhainn.
Sios oirnn, thogadh an t-sùil cùrsa na h-aibhne gu dlùth do na
<eng>Forks;<gai> air a laimh so tha dachaidhean nan Coadys, na
Siosalaich, nan Caimbeulaich, is feadhainn eile. Suas oirnn,
chiteadh aiteachas na h-aibhne gu faisg air crìoch a pharaisde; air
a laimh so shuidhich moran de Chloinn Illeolain, Cloinn Illeas,
Dughallaich agus caochladh fhineachan eile.

Fhad 's a bha mi 'gabhail beachd air suidheachadh an aite, bha 'n
sluagh a tigh'nn bho gach rathad 'nan ceudan. Bha gach ullachadh air
a dheanamh air an son. Chruinnich iad as gach sgìre eadar an Gut
agus Cheticamp, ach bha a mhor chuid dhiubh á <eng>Mabou, Broad<gai>
Cobh, Loch Ainslie agus as na <eng>Margarees.<gai> Bha iad ann dheth
gach aidmheil, a h-uile h-aon toileach airgid a chosg agus
cuideachadh 'thoirt seachad.

Bha sia buird-bhidhe ann air an cuir 'an deagh ordugh. Shuidh
buidheann againn mu aon-uair-deug, agus da rìreadh 's e duine gle
aillleasach, iongantach, nach cordadh a chuis ris. Bha beagan ann, an
deigh mheadhon-latha, a bha talach 's a gearain nach faigheadh iad a
stigh; ach ciamar a b' urrainn do chor 's da cheud deug suidhe aig
an dinneir cearta cruinne comhladh? Cha robh doigh air; agus leis a
sin, 's fheudar lethsgèul a ghabhail air son an luchd frith ealaidh,

bha iad a' deanamh an dichìoll.

Tha siorramachd Inbhirnis ainmeil airson a luchd ciuil, agus mar sin cha robh gainne phiobairean no fhiodhlairean oirnn. Bha 'n ceol ro-mhath. Bha coig <eng>platforms<gai> dhannsa 's a phairc, agus chaidh an cumail 'n an siubhal. Bha 'n dannsa Gaidhealach is Gallda, min is garbh, math is dona. Fhuair an t-oigridh an leoir de cheol 's do dhannsa co-dhiu, agus shaoilinn nach iarradh iad gu <eng>frolic<gai> gu ceann beagan sheachduinean.

Bha dreallag mhor air a suidheachadh 'am meadhon na pairce anns am faodadh da chàraid suidhe ma choinneamh a cheile gu toilichte; bha <eng>"bowls"<gai> ann an aite eile far am faigheadh fear no té a bhiodh seolta gus an ruidhleadh, cothrom air <eng>cigar<gai> a chosnadh; faisg air laimh bha bataichean air an robhas a' tilgeil fhàineachan leis am faodadh neach ealanta milseanan a bhuannachd; bha "cuibhl' an fhortain" no a mhi-fhortain ann; 'an taobh na pairce, bha inneal air a shuidheachadh a dh' innseadh do 'n fheadhainn aig an robh barail laidir orra fhein co miad punnd a thogadh iad; ach am measg gach fearras-chuideachd a bh' ann, 's i "Chailleach-dhubh," air an robhas a' tilgeil nan saighdean, dha 'n d' thug mi 'n t-urram. 'N 'am buaileadh tu 'san t-sroin i, ghluaiseadh clag beag air cùl a cinn, agus bha so na chomharradh gu 'm b' airidh thu air duais; ach cha mhor dhuaisean a fhuair mise, ged 's iomadh saighead a thllg mi!

Bha sluagh eireachdail cruinn; bha iad modhail, sìobhalta, toilichte mar bu choir. Dh' amaiseadh daoine ort 'n am measg cho Gaidhealach ri fad mòine, agus feadhainn eile cho Gallda ri <eng>bicycle.<gai> Bha gillean deas, dìreach, aigeannach ann a bhitheadh 'n an onair do reiseamaid Ghaidhealaich 's am bith; bha nigheanan òga ann cho cumhachdail, cho malda, 's cho briagha 'sa dh' imich fraoch no choisich sraid agus, -ach fhir-dheasachaidh, cha 'n abair mi 'n corr mu 'n deibhinn; eadar mis' a's sibhse, cha toil le Màiri mi bhi 'gràthuinn na h-urad mu na caileagan, -'s e "sgleogaireachd" an t-ainm a th' aic air a leithid de sheanachas.

Chaidh am <eng>pic-nic<gai> seachad; tha sluagh a bha cruinn an sud gle sgapte an diugh; cha bhi iad comhla gu bràth tuilleadh an taobh so de 'n uaigh; cha lughana sgala na trompaide a' tighinn as na speuraibh a chuireas cruinn iad a rithisd; ach anns na bliadhnachan gu tighinn, 's ann le toil-inntinn 'us gradh a sheallas sinn air ais air an da latha sin, a bha sinn cho aighearach, sunndach a measg ar càirdean is luchd-daimh air <eng>pic-nic<gai> an t-<eng>So'-West.<gai>

MURACHAN.

<eng>Sept.<gai> 13mh, 1897,

Seann Eachdraidh Leodhais.

Mu Eilean Rònaidh sgrìobh Mr Martin mar so:—Tha Eilean Rònaidh trì fichead mìle an Ear-thuath air rinn Neis an Leodhas. Fhuair mi

cunntas mu'n eilean bheag so agus na cleachdaidhean a tha aca ann bho Mr. Dòmhnall Morrison, ministear, Bharbhais, an deigh dha tilleadh á Eilean Rònaidh a bhuinneadh dha 'san am sin mar chuid do dh' fhearán na h-eaglais. An uair a chaidh mi air tìr, ars am ministear, ghabh muinntir an eilean rium gle choimhneil agus labhair iad rium mar is gnàth leo a bhi a fàilteachadh choigreach. Gum beanaicheadh Dia thu fhir-thuruis. Is e do bheatha an so, &c. Dh' fheumadh fear do mhuinntir an eileain cuir an ceil am meas mor a bha aca orm le car a chur timchioll orm deiseil, agus aig an dearbh am dha mo bheannachadh, agus a guidhe gach sonas dhomh. Chaidh iad comhla rium gus an tigh a chuir iad air leth dhomh airson fuireadh ann. Ann sin bha ciomball connlaich air an làr airson àite-suidhe. Mharbh gach teaghlach caora; mharbh iad cuig gu leir, b'e sin àireamh nan teaghlachan. Bha craicionn nan caorach slàn agus feannadh balgain air a dheanamh orra. Air do na craicinn a bhi mar so air am feannadh bha iad air an lionadh gun dàil le min eòrna agus thug iad sin dhomh mar thiodhlac. Tha cill <eng>(chapel)<gai> an so air ainmeachadh air Naomh Ronan, agus tha balla cloiche timchioll orra, agus tha iad a gabhail cùram mor a bhi ga cumail grinn, agus glan, agus ga sguabadh gach là. Tha altair an sin air a bheil bòrd fiodha mu'n cuairt air deich troidhean air fad. Tha toll anns gach troidh dheth, agus anns gach toll tha clach agus tha buaidh air leth anns gach clach a reir beachd muinntir an eilein. Gach maduinn Sàbaid tha iad ag aithris anns a chill Urnuigh an Tighearna, a' Chreud, agus na Deich Aitheantan. Cha'n 'eil fios aca air ni sam bith mu thimchioll airgid no oir, oir cha'n 'eil feum aca orra. Cha'n 'eil iad a ceannach na reic, ach ag iomlaideachadh na nithean a dh' fheumas iad. Tha iad a tarruing an sloinneadh fo dhath nan speur, a bhogha-frois, agus nan neul. Cha'n eil 'san eilean ach cuig teaghlachan, agus tha aig gach tuathanach tigh còmhnuidh, sabhal, tigh anns am bheil iad a' gleidheadh na nithean is feàrr a tha aca, agus tha fosglan <eng>(porch)<gai> aig gach taobh dheth an dorus gu cumail air falbh an uisge, 's an t-sneachd. Tha na taighean air an togail do chloich, agus air an tughadh le cònnlaich, a tha air a chumail sìos le sioman connlaich a tha air a chumail ceart le clachan. Tha iad air an éideadh mar mhuinntir Leodhais, agus cha labhair iad ach Gaidhlig.

[TD 103]

[Vol. 6. No. 13. p. 7]

Fo chionn ceithir bliadhna deug thainig sgaoth radan, gun fhios ciamar, air tìr an Rònaidh agus dh' ith iad suas na bha do dh' arbhar anns an eilean. Beagan mhiosan an deigh sin thainig seòladairean air tìr a thug bh' uatha an tarbh. Thug am mi-fhortan sin agus cion cobhair á Leòdhas mu'n cuairt gu'n do bhàsaich an seann treubh dhaoine sin. Fhuaradh aon bhoirionnach agus leanabh ri taobh. Chuireadh beagan sluaigh a ris airson an t-àite a lionadh ach chaidh am bàthadh air an t-slighe. B'e sin an oidhirp mu dheireadh a thugadh air sluagh a chur do'n àite. An uair a thaghail <eng>Mr Morrison<gai> Rònaidh thainig duine og far an robh e le tastan a fhuair e bho sheòladair. Thuirt e ris gu'n robh e gun bhean agus

gu'n robh e an dòchas gu'm faigheadh <eng>Mr Morrison<gai> bean dha ann an Leòdhas airson an tastain agus gu'n cuireadh e thuige i. An uair a thigeadh neach dhiubh air tìr ann an Leòdhas, ni nach robh a tachairt ro thrìc, bha e 'gabhail iongantais mòr na bha ann do shluagh. Bha toileachas mòr orra an uair a chitheadh iad eich, agus air do fhear dhiubh each a chluinntinn a sìtrich dh' fhoighnich e an d' rinn an t-each ud gàire ris-san.

Mu thimchioll nan eileanan Flannach sgrìobh Mr Martin:—An uair a rachadh muinntir an àite (Leòdhas) air tìr bheireadh gach neach an còmhdach dheth a cheann, agus chuireadh iad car deiseal a toirt taing do Dhia airson iad a bhì sàbhailt. Is e an t-eilean mòr an t-ainm a tha air an fhear is mo dhiubh. Tha làrach seann chill ann, a tha air a h-ainmeachadh air Naomh Flannan a tha toirt ainm do'n eilean. Is e eilean beag a th' ann do dh' eilean nan daoine beaga. Chithidh moran do chnàmhan a chlàdhach, nis coltaiche ri cnamhan dhaoine na ni feadhain sam bith eile. Thog so an inntinn an t-sluaigh am beachd gu'n robh aon uair daoine beaga a fuireach an so ris an canadh iad Lusbirdan <eng>(pigmies).<gai>

Dh' innis Alaistir Mac 'Illeathain a tha fuireach ann am Berneraidh mhor dhomh gu'n do thachair tràghadh neo-àbhaisteach bho chionn beagan bhliadhnaichean, nach facas a leithid roimhe sin no na dheigh. Thachair sin mu leth an earraich, agus chaidh a mhuir cho fada air ais agus gu facas balla cloiche anns an robh mu'n cuairt air dà fhichead slat air fad, agus an cuid do dh' àitean cuig, sia, agus seachd troidhean air àirde. Bha iad a smuaineachadh gu'n robh moran eile dheth fo 'n mhuir. Bha e ag radh gu'n robh e gu cùramach air a thogail, agus gun teagamh sam bith obair lamhan dhaoine.—
LEODHASACH 'sa <eng>Highland News.<gai>

“Am Mac-Talla.”

As a' <eng>'Highland News.'<gai>

Tha sinn fìor thoilichte gu'm beil ar caraid MAC-TALLA a rìs air teachd gu laimh. Litrichean caoimheil o chàirdean an sìd 's an so, seanfhacail bhrìoghmhor, beachdan tuigseach mu nithibh àraidh a tha 'tachairt air feadh an t-saoghail, naigheachdan as gach ceàrn, orain ar dùthcha agus àr cinnidh o'n àm a bh' ann 's a tha, agus paipeireun ionnsaichte gasda làn foghlaim do gach aon d'am meas eachdruidh agus cleachdaidh ar n-athraichean—tha so uile 's an còr ri fhaotainn 's a MHAC-TALLA. Na h-uile latha dha. Ma bhios toil aig ar luchd-leùghaidh am MAC-TALLA fhaicinn cuireadh iad fios chugainne.

Fhuair MAC-TALLA am mach, mar a fhuair sinn fhein, gu'm beil Gaidheil ann agus Gaidheil eile. Leùghaibh so. “Sgrìobh” ars' MAC-TALLA “duine àraidh nach dean sinn ainmeachadh chugainn o chionn ghoirid ag iarraidh oirnn stad a chur MHIC-TALLA g'a ionnsuidh-san, agus ag iarraidh oirnn innseadh dha gu de uiread 's a bh'aige ri phàigheadh dhuinn. ‘Cha'n 'eil mi smaoineachadh’ ars' esan, ‘gu'n do phàigh mi o'n thòisich mi air a ghabhail coig bliadhn' air ais, ach

aon leth-dolar. Tha mi an dòchas gu bheil a' chùis a' soirbheachadh le MAC-TALLA gu math 's gu bheil saoghal fada roimhe. Is mi do charaid dileas, &c., &c.' Nach beag an t-ioghnadh ged a shoirbhicheadh le MAC-TALLA, 's ged a dheanadh am fear a th' air a cheann fhortan. 'N am biodh luchd-leughaidh a phaipeir so air fad cho dileas 's cho dleasannach ris air duine so, nach i Ghàilig a bhiodh suas am bruthach!"

Nach i gu dearbh arsa sinne.

Aig àm na seilge anns a' Ghaidhealtachd thog dà ghille gu braigh na dùthcha air toir ge b'e eun no ainmhidh a thigeadh 'nan slighe. Bha seann isneach aig aon diubh, ach ged a choisich iad astar fada cha'n fhaca iad ni sam bith beò. Thainig iad mu dheireadh an latha gu loch air an robh lachan a' snàmhadh mu'n cuairt. Chaidh iad gu grad gu cùl cloiche a bha sin, agus thoisich am fear aig an robh an isneach air ullachadh gu am peilear a thilgeadh, 'nuair a mhothaich an gille eile nach robh glas air an isneach. "A ghille!" ars esan "cha'n urrainn duit losgadh, cha'n eil glas air an isneach." "Bi sàmhach amadain!" ars am fear eile "cha'n eil fios aig na lachan air sin."

An do phàigh thu MAC-TALLA.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 104]

[Vol. 6. No. 13. p. 8]

Prionns' Tearlach a' Dealachadh ri Floraidh Dhomhnullach.

LE D. B. MAC LE0ID.

'Dh'ionnsuidh cladach a' chuain,
Ri fuar-ghaoth an anamoich,
Thainig Teàrlach gun dealradh,
Air alaban 's e sgìth;
Cha robh reul air a bhroilleach,
No freiceadan a' falbh leis
Ach ainnir nan gorm-shul
Bu dealbhaiche lìth:
Mar dhaoimean 'san oidhche
Bha 'mhaighdean fo thùrsadh,
'S i craiteach thaobh Thearlaich
Bhi fàgail a dhùthcha;
Bu chianail a h-osna,
'S bu ghoirt deòir a sùilean,
'N uair chunnaic i 'n iùbhrach

A dlùthadh ri tìr.

Bha 'ghealach a' snàmhadh
Thar àirde nan stùc-bheann,
'S a gathannan siùbhlach
Air dlùth-thonna 'leum;
Ach ghrad thug i 'n aire,
'S mar oigh air a ciùradh,
Chuir sgàil air a gnùis ghil
Do thiugh-neòil nan speur;
A's dh'fhalaich na reultan
Iad féin anns a' ghorm-bhrat-
Bha osna na gaoithe
'Trom-chaidh na bha 'falbh leath';
'S b' e gearan a' chuain
'An àm bualadh ri garbh-chreig-
"Mo leir chreich! an Albainn
'S ann mharbhadh na tréin!"

Sheas Flòraidh a's Teàrlach
Air tràigh nan tonn caoir-gheal,
'S bu reub-chridheach, aog-neulach
'N aogas le cràdh-
Cha robh focal o 'm bilibh
Ach sileadh gun fhaochadh,
'S iad aodann ri h-aodann
Air glaodhadh le gràdh;
Ach thainig a' bhìrlinn-
'S i 'n ribhinn a thòisich,
Le brist-ghuthan anamhunn
Air seanachas gu dòimheach,
Mar chlarsach 's a teudan
Gun ghleusadh, gun òrdugh,
Bha reult nam ban oga
Fo dhòlum 's fo spàirn.

"A Thearlach mhic Sheumais,
Ic Sheumais nan cùirtean,
Mo leònadh! do chrùn
Bhi air umpaidh gun euchd;
Mo leònadh! na treun-laoich
Cha'n éirich, 's cha dùisg iad
A trom-chadal duint shùileach
Udlaidh an éig!
Cha ghlac iad an lann
Anns a' champ' ri uchd nàmhaid-
Cha sgap iad fir Shasunn
Mar asbhuan 's na blàraibh-
Cha 'n fhaic iad do bhratach,
'S cha ghlac iad air làimh thu-
Ni 'n saile 's am bàs
'Ur fad-fhagail o chéil'!

"A Theàrlaich mhic Sheumais,

Ma dh' fheumas tu triall uainn'
Gu'n coimhead Mac Dhia thu
Bho fhiaclan nan daoil!
Gu'n stiùr e an iùbhrach
Air dlùth-thonna liath-ghlas,
Gu reidh-shligheach, dian-shiubhlach,
Fior-luath gu tìr!
Gu'm boillsg anns an oidhch' ort
Na soillsearan néamhaidh,
Gu h-iùlmhor 'g a d' ghiùlan
Do dhuthaich 's nach fheum thu,
Bhi 'n ad fhògarrach brònach
Fo chòmhdach mar reubal'
Aig allmharraich éitidh
Neo-spéiseil 'n an crìdh'.

"O Albainn! tha 'n t-àm aig
Do cheann-sa 'bhi 'dórtadh,
'S do Phrionns uait air fògradh,
'S do laochraidh 's an uaigh!
Biodh crònan do phìoban
A' sìor dhiùltadh ceòil duit,
'S do chlarsairean rò-mhilis
Dòimheach gach uair;
Biodh cruitearan sgiathach
Nam fìor-chrannaibh samhach-
Cha dòirt iad an ceileir
'Am broilleach mo Theàrlaich-
Cha dùisg iad na treun-laoich
A dh' eug anns an àrfhaich'-
'S cha mhosgail o 'n bhàs iad
Air àirdead am fuaim!"

Ach stad i-'s le 'ròs-bhilean
Phog e a' mhaighdeann,
A' siabadh gu caoimhneil
Nan deura' o 'sùil,
"Glas sòlas a Fhlòraidh
Tha òganaich Fhrangach
A dh' éireas neo-ghann leam
A bhuannachd mo chrùin:
'S tha lasgairan anaghlonnach
'N Albainn a dhùisgeas,
Le'n trusganan balla-bhreac,
'S le'n armaibh math, dùbhailt',
Théid cath-thromp nan garbh-chrioch
Le bord-sgread gu bùirich,
'S bidh trupairean crùbach
Gun lùgh's anns gach cùil!"

Dh' fhàg e i 'caoineadh
'Na h-aonar air tràghaid,
A's sheol e 's a' bhàt' uaip'
A' fàsgadh nan dòrn;

Bha 'cliabh air a lìonadh
Le h-iarguin los sgàineadh,
'S i airsnealach, ànrach,
Gun mhànràn, gun cheòil.
Laidh braona na h-oidhch'
Air a' mhaighdinn ghlain, àluinn
Bha h-inntinn gu luaineach
Air chuan mar ri Teàrlach-
Cha'n fhac i e tuille
Chum na builean a phàigheadh;
Ach mheudaich a gràdh dha
Gach là bha i beò.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Taillear.

SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>

Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.

ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., <eng>Sept.<gai> 1, 1897.

[TD 105]

[Vol. 6. No. 14. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, <eng>1 OCTOBER, 1897. No. 14.<gai>

Domhnull Mac Dhomhnuill.

SEANN GHAIÐHEAL FIACAAIL.

(Eadar. le "Iain Dubh.")

Tha sinn uile riarachtaiche le Bòrd na Sgoil, agus leis na toraidhean a lean e ann a rathad a bhi leasachadh suidheachadh inntinn ar rìoghachd, ach tha aon chrìoch aig na h-atharraichean sin is dòcha, tha na aobhar duilichinn, 'se sin nach bidh aig an ath ghinealach a h-aon de na "prìomh fhiùrain" gu sealltuinn air ais orra—a h-aon dhe 'n ghnè sin a bheireadh an deanadas, agus am briatharan fiamh-gaire eadhon air aghaidhean smuairneanach a naoidheamh ceud deug bliadhna so. A nis 'sann an àitean dùthchail a mhàin bu dòcha sinn tighinn tarsuinn air a h-aon dhe na fiùrain sin, eadhon anns na h'àitean sin féin tha iad gu luath 'dol as an t-sealladh.

Ann am baile beag, dlùth air a'mhuir agus nach 'eil ceud mìle o Ghlaschu, tha fhathast a làthair, samhla fìorghlan de Ghaidheil chiatach na linn a dh' fhalbh. Labhraidh sinn uime fo 'n ainm Dòmhnall Mac Dhòmhnùill. Bha Dòmhnall air a chleachdadh ri iomadh seòrsa obair na latha, uairibh na iasgair, na chìobair, na ghàradair, na chùiltear, na chairtear, na chroitear agus cha 'n eil ach aig Dòmhnall féin fios gu de eile. An doigh beothachd a tha aig a nis, cha 'n eil fhios aig neach sam bith. Cha 'n eil teachd a steach aig, ach na bheir dusan na dha de chearcan dha, agus toradh àradh beag, a tha mu 'n t-seathamh cuid deug do dh' acair a mhead. Anns an lios so tha e 'cur urad do chàl 's de bhuntàta 'sa chumas e, agus ré an t-samhraidh cha 'n 'eil dad aige ra dheanamh ach sealltuinn air a fas. Fhuair e 'mach nach 'eil an talamh anns a' ghàradh ro thorach, air an aobhar sin tha e 'g radh, nach bi e aig an dragh a bhi 'cur dad ann an ath bhliadhna. Ge b'e air bith mar 'tha teachd-an-tir Dhòmhnùill tha roinn mhath do neo-eiseamaileachd aige. Air oidhche àraidh, bha e ann a h-aon de charbadan a' bhaile, agus thairg òsdair a mhuinntir a' bhaile am faradh aige a phàigheadh. "Cha phàigh! Cha phàigh!" arsa Dòmhnall, "'nuair nach eil da sgillin agamsa dhe mo chuid fein, thig mi far a bheil thusa;" agus riathraich e 'inntinn le fharadh fhéin a phàigheadh. A dh' aindeoin a chòrr agus a dheich agus a thri-fichead bliadhna a dh' aois, cha chuir suidheachadh na h-aimsir cùram sam bith air. Bitheadh an t-uisge cho trom 'sa thogras e, fàiltichidh Dòmhnall thu le—"Tha latha briagha ann."

Cha 'n eil teagamh sam bith nach eil a' Ghaidhlig ann an Dòmhnall gu cnaimh an drama, ni a dh'aobhraich sgaradh a dhol na cheangal ris an eaglais. Chaidh an t-Urr. Mr Mac Sread a shuidheachadh mar mhinistear ann an sgìreachd Dhòmhnùill; cha 'n e gur ann air a bu mhodha déigh an t-sluaigh, ach a chionn gu robh e comasach air Gàidhlig a shearmonachadh, an car bu lugha, aon uair a h-uile

sàbaid. O' chionn deich bliadhna air ais chur an t-Urr. Mac Scream a' Ghaidhlig air chùl buileach glan; agus gus an tòisich e oirre 'rithist, seallaidh Dòmhnall air mar ni nach fhiach an t-saothair. A bhàrr air a sin mar a thuirt e féin a latha roimhe, "'S gann gur fhiach dhuit dol do 'n eaglais air son fhad sa chumar thu, tha thu dìreach a dol a stigh, 'sa mach air ball; sin uile e. Cha 'n eil iad coltach ris na laithean a dh' aom!"

Tha beachdan Dhòmhnall tur eadar-dhealaichte o bheachdan luchd-eisdeachd an latha 'n diugh a thòisicheas air meuranaich, mu 'n gann ruigeas am ministear "'san dara h-àite."

Tha gràdh mor aig Dòmhnall d'a dhùthaich-na dhoigh fhéin-O chionn 'dha na trì bhliadhnachan bha 'm baile anns a bheil e 'chomhnuidh ann an troi'-cheile mhòr a thaobh an réis 'bha gabhail àite eadar am <eng>"Britania"<gai> agus an <eng>"Vigilant."<gai> Cha robh ach roinn dhe 'n chùrsa faicsinneach o'n bhaile, agus bha na sgothan-luingeanach co-strigheach a nis air dol as an t-sealladh. Thàinig fios-dealan a dh' ionnsuidh a bhaile gu robh 'n ceum-toisich aig a 'bhàta Americanach le leth-cheud slat. Bhuail a naigheachd so na daoine 'bh' air cruinneachadh air a chladach le uamhas, ach 's e thuirt Domhnall 's e toir cloimhteachadh air féin: "Cha 'n 'eagal di! Cha 'n 'eagal di!"

"Ach 's e 'a fhirinn a th' ann a Dhomhnall gu bheil am <eng>'Britania'<gai> a càll."

"Cha 'n 'eagal di!"

"Sin agad ma tha a 'Vigilant' 'tighinn timchioll an rudha 'n toiseach agus faic air do shon féin."

"Cha 'n 'eagal di!" agus choisich e air falbh air eagal am bàta Breatuinneach fhaicinn air a' beatadh. Na 'm bitheadh sùil chàm aige 's ann rithe 'chuireadh e a' ghloinne-amharc mar a rinn Nelson ainmeil roimhe, agus a thuirt e, "Cha 'n eil mi ga faicinn." Gu seabhach an ath uair a thainig iad timchioll an rudha bha 'm <eng>"Britania"<gai> air thoiseach.

Air cho gràdhach 's gu bheil Domhnall d'a dhùthaich cha do shòr e beagan cùiltearachd a dheanamh ann a laithean òige. Aig an àm so bha e 'chomhnuidh far an d' rugadh e-ri taobh Loch Fìne, 's bha e air mhùinntearas aig tuathanach. Bha muillear anns an àite bha deanamh beagan gnothaich leis a "phoit-duibh," gun teagamh, air a chomhnadh leis na tuathanaich anns a' choimhearsnachd. Chuir mhaighistir Dòmhnall latha air falbh thun a mhuillean le cairt do bhraich, air a chomhdach le gràn air son daoine a mhealladh. Bha Dòmhnall gu math sùndach air an rathad 'nuair a thachair Gàidsear ris 'se marcachd. 'Se their Dòmhnall ris "an <eng>supervaesor."<gai> Na lean, bheir sinn seachad e na briathran féin.

"C' àite a bheil thu dol," ars an <eng>supervaesor<gai> rium féin.

"Thun a mhuileann," ars a mise.

“Gu de 'th'agad anns a' chairt?”

“Tha gran.”

“Se mo bharaill gu bheil barachd as sin agad,” ars esan, “chi mi air mo shon féin,” 's e leum 'sa breith air ceann an eich.

“Leis às ceann an eich agamsa.”

“Cha leig.”

“Mur 'leig, ni thu nas miosa dhuit fein.”

“Cha dean mi,” ars' an gàrlach.

“Ma tha gabh sin,” ars a mise, 's mi toirt gleadhar do 'n chuirp dha, 'us thilg mi e ann an clais an rothaid. Mach a ghabh an teach aige rathad eile.

Sin agad, arsa Domhnull, 's e caogadh an t-sùil, 'sa deanamh gnogadh beag le cheann, an dòigh air na <eng>supervisors.<gai>

Ma 'n d' fhuair an gaidsear greim air an each 'se féin a chur air bha Domhnull còir air tilleadh o 'n mhuileann an deigh a bhraich a thasgadh suas far nach fhaigheadh duine e ach e féin air neò am muillear.

Bha aig Dòmhnall a bhi làthair uair, mar fhianuis, aig cùirt a thaobh sabaid a ghabh àite. Dh feuch am fear-lagh 'bh'air an taobh eile ri fianuis Dhòmhnall a chur bun os cionn le ath-cheasnachadh. 'N uair a chunnaic e nach rachadh aig air, thoisich e air tarsuinn às dh' feuch an deanadh e mach air gu robh e air mhisg 'nuair a ghabh a ni àite; ach bha Dòmhnall cho seòlta ris. B' feudair dha 'n t-siorram a ghabhail an laimh.

(Ri leantuinn.)

Cuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA.

[TD 106]

[Vol. 6. No. 14. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UAISLE.

CAIB. XIV.

An uair a chuir an dara caladair crìoch air a naigheach, thuirt Sobaide ris, “Tha h-uile cuis ceart; faodaidh tu a bhith falbh agus

do rogha rathad a ghabhail. Ach an aite falbh is ann a ghuidh e oirre gu'n leigeadh i leis fuireach gus an cluinneadh e eachdraidh nan daoine eile a bh' anns an t-seomar. A uair a thug Sobaide cead dha fuireach, shuidh e ann an aite air leith.

An uair a thoisich an treas caladair ri eachdraidh a bheatha fhein innseadh thuirte e:—"A bhaintighearna urramach, tha m' eachdraidh-sa gle neo-choltach ris an da eachdraidh a chuala sibh a cheana. Chaill an da phrionnsa a dh' innis an eachdraidh an leith shuil le mi-fhortan a thainig 'nan rathad 's gun choire sam bith aca fhein ris, ach chaill mise mo leith shuil le mo choire fhein, mar a thuigeas sibh an uair a chluinneas sibh m' eachdraidh.

Is e Agib an t-ainm a th' orm, agus is mac righ mi. B'e Casaib ainm m' athar. An deigh bas m' athar bha mise 'nam righ, agus bha mi 'gabhail comhnuidh anns a' bhaile anns an robh m'athair a' gabhail comhnuidh romhan. Tha 'm baile ri cois a' chladaich agus tha acarsaid ann cho farsuinn 's cho safhailte 's a gheibhear anns an t-saoghal. Tha arm-lann anns an acarsaid so anns an togtadh ceud gu leith long-chogaidh, leith cheud long air son giulan bathair, a bharrachd air moran de shoitheachan eile, beag is mor de gach seorsa. Tha mo rioghachd gu math farsuinn, agus tha aireamh mhath a dh' eileanan mora innte, agus tha iad uile ann an sealladh a' cheanna-bhaile.

An uine ghoirid an deis dhomh a bhith air mo dheanamh 'nam righ, chaidh mi air feadh gach cearn de'n rioghachd a chum gu 'm faicinn an sluagh, agus gu'n deanainn gach ni a ghabhadh deanamh gus toirt orra a bhith umhail agus dileas dhomh. 'Na dheigh sin an uair a fhuair mi an cabhlach gu leir a chur 'na lan uidheam, sheol mi do na h-eileanan gu eolas a chur air an t-sluagh a bha 'nan comhnuidh annta. An ath bliadhna rinn mi a' cheart ni. Thug so orm tlachd a ghabhail ann a bhith 'seoladh. Mu dheireadh, bhuaile e anns an inntinn agam gu'm bu choir dhomh falbh feuch an tachradh eileanan eile rium gus seilbh a ghabhail orra, agus mar so mo rioghachd a mheadachadh. Fhuair mi deich longan-cogaidh fo'n lan uidheam, agus sheol sinn.

Fad shia seachdainean bha soirbheas againn cho fabharrach 's a dh' iarramaid. Ach 'na dheigh sin sheid stoirm laidir 'n ar aghaidh fad latha 's oidhche, agus cha mhor nach deachaidh ar call. Ma shoilleireachadh an latha thuit a' ghaoth, agus thainig a' ghrian ris gu briagha. O'n a thachair dhuinn aig an am a bhith faisg air eilean mor, dh' acraich sinn dluth dha, agus thug sinn uisge agus biadh air bord. An ceann da latha sheol sinn. An ceann deich latha an deis dhuinn seoladh bha suil am mach againn feuch am faiceamaid fearann; ach cha robh fearann ri' fhaicinn. An uair a chunnaic mi nach robh cuisean air thuar a dhol leam cho math 's a bha mi 'n duil, thug mi ordugh tilleadh dhachaidh. Ach thuig mi gu'n do chaill sinn ar cursa. Air an latha sin fhein chuireadh fear de'n sgiobadh suas do'n chrann-mheadhain feuch an deanadh e am mach an robh sinn faisg air fearann. An uair a thainig e 'nuas, thuirte e nach robh coltas fearainn ri fhaicinn taobh sam bith; "ach tha mi," ars' esan, "a' faicinn meall mor dubh 'nar deigh."

An uair a chual' am fear-iuil a bh' againn air bord na briathran so, dh' fhas 'aghaidh cho geal ris an anart. Le a leith laimh thug e a bhoinneid bhar a chinn agus bhual e air an dec i, agus leis an laimh eile thoisich e ri bualadh 'uchd agus ri radh, "Tha sinn caillte! Cha teid a h-aon dhinn as! Agus tha e neo-chomasach dhomhsa an cunnart a sheachnadh." An uair a thuirt e so bhual e air gul 's air caoidh, mar dhuine a bhiodh a' faicinn gu'n robh e dluth air bas obann. An uair a chunnaic sgiobadh na luinge an suidheachadh anns an robh e, chaidh iad uile air chrith leis an eagal.

Dh' fheoraich mi dheth c' ar son a bha eagal cho mor air; agus thuirt e rium gu'n d' fhuadaich an stoirm cho fada bhar ar cursa sinn 's gu'n robh sinn tuilleadh is dluth air na beanntan dubha. "Anns na beanntan so," ars' esan, "tha moran de chloich dhaoimein, agus mu'n am so am maireach an uair a bhios sinn air ar tarrainn gu math dluth dhaibh, tairnidh a' chlach dhaoimein so a h-uile tairing iarunn a th' anns na longan am mach asda, agus theid iad 'nam bordan beaga, agus bidh sinn uile air ar call. Tha taobh nam beanntan so luma lan de thairnean a bh' anns na longan a bh' air am bristeadh orra a chionn iomadh linn. Mar is mo a bhristear de shoithichean air cladach nam beanntan so, is ann is mo a bhios de chumhachd tarrainn aca air soithichean eile.

"Tha garbhloch anabarrach mor air taobh a' chuain de na beanntan so. Air mullach te dhiubh tha taigh umha air a thogail air am bheil mullach cruinn. Air mullach an taighe so tha each umha 'na sheasamh. Air muin an eich so tha marcaiche 'n a shuidhe, agus air an uchd aig a' mharcaiche tha uchd-eideadh luaidhe air am bheil facail dhraoidheachd sgriobhte. The e air aithris gur e an t-each agus am marcaiche an t-aobhar sonraichte air son gu'm bheil na h-uiread de shoithichean air am bristeadh agus de dhaoine air am bathadh air cladach na beinne, agus gu'm bi an call so a tachirt gus an leagar an t-each agus am marcaiche bhar mullach an taighe."

An uair a chuir am fear-iuil crìoch air na briathran so, thoisich an sgiobadh ri gul 's ri caoidh maille ris. Bhi mi ann an lan dhuil gu'n robh crìoch mo bheatha dluth air laimh.

Anns an am thoisich a h-uile fear a bh' air bord ri deanamh deiseil air son a bheatha fhein a shabhaladh, nan gabhadh sin deanamh. Rinn gach fear dileabach de'n fear eile, a chum gu'm biodh cuid an fhir mhairbh aig an fhear bheo.

Anns a' mhadainn an la-iar-na-mhaireach bha sinn gu math dluth do na beanntan, agus chuir na chuala sinn mu'n deidhinn am barrachd uamhais oirnn. Mu mheadhain latha bha sinn cho dluth orsa 's gu'n do lan-chreid sinn gu'n robh na dh'innis am fear-iuil dhuinn mu'n deidhinn fìor gu leor. Thoisich gach tairig agus gach iarann eile a bha anns na longan air leum asda gu cladach na beinne. Mu dheireadh sgaoil iad 'nam bhrdan as a cheile, agus chaidh iad fodha. Bhathadh a h-uile duine ach mi fhein. Ach bha Dia trocaireadh dhomh, agus thachair gu'n d'fhuair mi greim air maide mor a chum an uachdar mi. Beag air bheag chuir a' ghaoth mi fhein 's am maide gu tir aig bonn

na beinne gun bheud a dheanamh dhomh. Ged a bha'n cladach garbh, creagach, anabarrach doirbh ri 'dhireadh, thachair gu'n deachaidh mi air tir ann an aite anns an robh e rud eiginn furasda dhomh a' bheinn a dhireadh. An uair a chunnaic mi so thug mi taing do Dhia, agus dh'earb mi-fhein ris. Thoisich mi ri direadh na beinne, ach ma thoisich cha robh sin furasda dhomh a dheanamh. Cha robh bileag fheoir ri fhaicinn o bhonn gu mulladh na beinne; cha robh anns a' bheinn ach clach dhubh, chruaidh, shleamhuinn; agus chuireadh an oiteag ghaoithe lu lugha bhar mo chas mi iomadh uair. Ach a dh'olc no dh'eiginn gu'n d' fhuair mi rainig mi mullach na beinne ma dheireadh. Chaidh mi steach do'n taigh, agus air mo ghiuinean thug mi taing do Dhia air son cho trocaireach 's a bha e dhomh.

Chuir mi seachad an oidhche anns an taigh. Chaidil mi gu trom; oir bha mi gle sgithe. Chunnaic mi brудар iongantach. Ar leam gu'n d' thainig seann duine liath, air an robh coltas siobhalte, far an robh mi, agus gu'n dubhairt e rium, "Eisd rium, Agib; cho luath 's a dhuisgeas tu, cladhaich an talamh aig do chasan, agus gheibh thu fo 'n talamh bogha-saighead umha, agus tri saighdean luaidhe a rinneadh fo runnagan araid a chum an cinne daon a shaoradh o iomadh trioblain do 'm bheil iad buailteach. Tilg na tri saighdean air an iomhaidh duine a th' air muin an eich, a th' air mullach an taighe. Tuitidh an t-iomhaidh so sios do'n chuan; ach tuitidh an t-each-umha air do bheulaobh. Feumaidh tu an t-each so a thiodhlacadh anns an t-slochd as anns an cladhaich thu am bogha-saighead agus na saighdean. Cha luaithe a ni thu so na thoisicheas am muir ri at 's ri eirigh suas ri taobh na beinne gus mu dheireadh an bi e cho ard ri urlar an taighe. An uair a bhios am muir cho ard sin, chi thu bata beag, a' tighinn an taobh a tha thu, agus coltas aon duine innte, agus e

[TD 107]

[Vol. 6. No. 14. p. 3]

'g a h-iomradh le romh agus gach laimh. Cha'n e duine a th' ann, ach iomhaidh duine air a dheanamh de mhiotailt araid. An uair a thig am bata gur tir air do bheulaobh, theid thu gun dail a steach innte. Ach thoir do cheart aire nach ainmich thu ainm Dhe fad 's a bhios tu air bord innte. Ann an deich laithean bheirear thu a dh'ionnsuidh aite anns am faigh thu cothrom air a dhol gu sabhailte do d'rioghachd fhein. Ach cuimhnich nach toir thu guth air ainm Dhe fad na h-uine; ma bheir, cha ruig thu do rioghachd fein gu brath."

Thug am brудар so, an uair a dhuisc mi, misneach mhor dhomh. Gun dail sam bith chladhaich mi anns an talamh aig mo chasan far an robh mi nam laidhe. Fhuair mi am bogha-saighead agus na tri saighdean mar a thuirt an seann duine rium. Thilg mi na saighdean air an iomhaidh a b'h air muin an eich umha, agus leis an treas saighead leag mi e. Thuit e car ma char sios leis a'bheinn agus chaidh e as mo sealladh anns a mhuir. Thuit an t-each mar an ceudna air mo bheulaobh, agus gun dail sam bith thiodhlaic mi e anns an t-slochd as an d' thug mi am bogha-saighead agus na saighdean. Mar a thuirt an seann duine rium, thoisich am muir ri at beag air bheag gus mu dheireadh an robh

e cho ard ri urlar an taighe a bh' air mullach na beinne. Thug mi an aire anns an am gu'n robh am bata tighinn 's a' deanamh dìreach aire an aite anns an robh mi, agus thug mi taing do Dhia a chionn gu'n robh mi air thuar faotainn as an aite mhi-fhortanach anns an robh mi.

Mu dheireadh, an uair a thainig am bata gu tir air mo bheulaobh, chunnaic mi gur e iomhaidh duine de mhiotailt a bha 'ga h-ìomradh, mar a dh' innseadh dhomh anns a' bruadar. Gun fhacal a radh chaidh mi air bord innte. Dh'iomair e air falbh o'n bheinn agus lean e air ìomradh fad naoi latha agus naoi oidhche. Anns a' mhadainn air an deicheamh latha, thug mi an air e gu'n robh sinn a' diuthachadh ri fearann. Bha mi cho lan de ghairdeachas aig an am 's gu'n do dhichuimhnich mi a' chomhairle a thug an seann duine orm anns a' bhruadar. Thuirt mi, "Beannaichte gu robh Dia! Moladh do Dhia!"

Cha bu luaithe a thuirt mi so na chaidh am bata agus an duine miotailt fodha fo m' chasan. Bha mi 'nam dheadh shnamhaiche agus o nach robh mi fada o thir thuirt mi rium fhein gu'n rachadh agam air tir a thoirt am mach. Ach cha robh sin cho furasda dhomh 's a bha mi 'n duil. An uine ghoirid thuit doinionn gharbh agus tiugh-dorchadas air an fhairge gu leir. Cha robh fhios agam co an taobh air an tugainn m' aghaidh; ach bha mi sìor shnamh. Mu dheireadh thoisich mo neart ri mo threigsinn. Thug mi duil thairis gu'm faighinn gu brath gu tir. Ach sheid a' ghaoth anabarrach laidir, agus dh' eirich na tonnan cho ard 's gu'n robh iad 'g am iomain gu tir gus mu dheireadh an do thilg iad air a' chladach mi' agus mi leith mharbh. Bha de mhothachadh annan na thug fa near gu'm faodadh sruladh nan tonn mo thoirt am mach a rithist, agus thug so orm gu'n d' ealaidh mi suas gu braighe a' chladaich.

CAIB. XV.

A reir choltais gu'n robh mi greis mhath 'nam chadal 's an aodach fhliuch am braighe a' chladaich; oir, an uair a dhuig mi bha 'ghrian air eirigh gu math ard. Bha latha anabarrach blath, briagha ann, agus chuir mi dhìom mo chuid aodaich, agus sgaoil mi air thiomachadh e ris a' ghrein. An uair a bha e tioram gu leor chuir mi umam e, agus dhirich mi suas o 'n chladach feuch cìod a chithinn. Cha deachaidh mi fad air m' aghaidh an uair a chunnaic mi gu 'n robh mi air eilean beag, fasail, a bha gu math fad' o thir-mor. Thug so mo mhisneach uam gu mor; oir ged a fhuair mi as gu sabhailte o chunnart na mara, cha robh e coltach gu 'n robh doigh sam bith ann air am faighinn as gus a dhol do mo rioghachd fhein. Ach o'n a bha pailteas de chraobhan-meas air an eilean, thuig mi nach fhaighinn bas leis an acras. Chuir mi mi-fhein air churam Dhe, agus ghuidh mi air gu'n deanadh e rium mar a chitheadh e ìomchuidh.

Aig a' cheart am chunnaic mi long a' tighinn o thir-mor a dh'ionnsuidh an eilean Thuig mi gu 'n robh 'nam beachd acrachadh aig an eilean; agus o nach robh fhios agam cìod e an seorsa dhaoine a bh' annta, thuirt mi rium fhein gu 'm b'e an gnothach bu shabhailte dhomh cumail as an sealladh. Dhirich mi suas do chraoibh mhoir far

am faicinn iad, agus far nach fhaiceadh iadsan mise. Thainig an long do bhagh beag a bha faisge orm, agus cha bu luaithe a chuireadh am mach an t-acaire na thainig deichnear gu tir. Bha spaidean is piocaidean aca, agus thuig mi gu 'n robh iad gus an talamh a chladhach an aite eiginn. Chaidh iad gu meadhain an eilean, far an d' thug iad greis mhath air cladhach; agus ar leam gu 'm faca mi iad a' togail lice bhar dorus-falaich. Thill iad air an ais thun a' bhata, agus thug iad innsreadh agus biadh dhe gach seorsa gu tir, agus ghiulain iad e a dh' ionnsuidh an aite anns an do chladhaich iad an talamh. Thug so orm a smaointean gur e taigh fo thalamh a bh' ann.

Chunnaic mi iad a' tilleadh a rithist thun na luinge, agus thug iad gu tir seann duine agus gille og mu thimchioll choig bliadhna deug. Chaidh iad uile sios troimh an dorus-fhalaich, agus an ceann beagan uine thainig iad uile a nuas as an taigh fo thalamh ach an gille og. Thug so orm a smaointean gu 'n d' fhag iad anns an taigh fo thalamh e, agus ghabh mi ioghnadh mor. Chaidh an seann duine agus an deichnear sheirbhiseach air bord agus gun dail sam bith sheol iad air falbh a dh' ionnsuidh tir-mor.

An uair a chunnaic mi gu 'n robh iad cho fad air falbh 's nach tugadh iad an aire dhomh, thainig mi 'nuas as a' chraoibh, agus chaidh mi far am faca mi iad a' cladhach na talmhainn. Beag air bheag ghlan mi an talamh air falbh, agus leig mi ris clach a bha mu thri troidhean air gach rathad. Thog mi i, agus chunnaic mi gu 'n robh staidhre chloiche foidhpe. Chaidh mi sios, agus rainig mi seomar mor air an robh larbhrat, agus anns an robh uirigh a bha comhdaichte le brat a dh' obair-ghreis ro ghrinn air an robh an duine og 'na shineadh, agus guite 'na laimh. Chunnaic mi so le solus nan coillnean ceireach a bha laiste anns an t-seomar. Ghabh an duine og clisgeadh an uair a chunnaic e mi. Ach air eagal gu 'n gabhadh e miapadh ro mhor, ghrad thuirt mi ris, "Ge b'e air bith co thu, na biodh eagal sam bith ort. Is righ mise, agus mac righ, agus uime sin cha dean mi cron sam bith ort. An aite cron a dheanamh ort is docha gu 'n do thachair dhomh tighinn an so a chum math a dheanamh dhut. Tha thu an so air do thiodhlacadh beo air son aobhair air am bheil mise an-fhiosrach. Ach is e a tha cur ioghnaidh orm (oir chunnaic mi gach ni a thachair o'n a thainig thu air tir do 'n eilean), c'ar son a leig thu leotha do dhunadh a steach an so gun chur gu laidir 'nan aghaidh."

Rinn an duine og faite gaire an uair a chuala e na briathran so, agus dh' iarr e orm suidhe. An uair a shuidh mi thuirt e rium:—"A phrionnsa, tha mi 'dol a dh' innseadh dhut rud a chuireas ioghnadh anabarrach mor ort."

"Tha m' athair 'na mharsanta-sheudan, agus leis cho glic, gleusda 's a bha e 'dol an ceann a ghnothaich, rinn e fortan mor. Tha aireamh mhor sheirbhiseach aige, agus tha aige mar an ceudna fir-ionaid a tha 'deanamh gnothaich air a shon air muir 's air tir ann an iomadh aite air feadh an t-saoghail. Agus tha e 'reic moran sheudan ri righrean 's ri prionnsachan, agus ri ard-mhaithean gach rioghachd.

“Bha m’ athair posda iomadh bliadhna mu ’n robh teaghlach aig. Ach chunnaic e bruadar o’n do thuig e gu ’m biodh mac aige, ach nach biodh a shaoghal ach goirid. An uair a dhuisc e bha e fo thrioblaid inntinn anabarrach mor mu ’n chuis. Mu’n am sin dh’ fhas mo mhathair leith-tromach ormsa, agus an ceann naoi miosan rugadh mi, agus a reir mar a chuala mi, bha gairdeachas nach bu bheag ann an taigh m’athar.

Ghabh m’ athair beachd air a’ cheart mhionaid air d’ rugadh mi, agus gun dail sam bith chaidh e far an robh reuladairean ainmeil a bh’ anns an rioghachd feuch am faigheadh e ’mach ciod a bha gu eirigh dhomh. Thuirt iad ris mar so;—“Bidh do mhac beo, slàn, fallain fad choig bliadhna deug, agus ma dh’ fhaoidte na ’s fhaide; ach aig aois nan coig bliadhna deug bidh e ann an cunnart mor gu ’n caill e a bheatha. Ma sheachnas e an cunnart mor so, faodaidh e bhith beo gus am bi e ’na fhior sheann duine. Is e am a’ chunnairt an t-am anns

(Air a leantuinn air taobh 110.)

[TD 108]

[Vol. 6. No. 14. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha ’phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand ’s an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. ’sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g’ ar ’n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d’ an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher ‘Mac-Talla,’
Sydney, Cape Breton<gai>

<eng>SIDNI, 1 OCTOBER, 1897.<gai>

Mar a tha fhios aig ar leughadairean mar tha, bha am Mòd Gàidhealach air a chumail am bliadhna ann am baile Inbhirnis, ceanna-bhaile na Gàidhealtachd. B’e so an siathamh uair a bha am Mòd air a chumail, agus ged a bha gach coinneamh roimhe cho math ’s gu ’n do riarach iad na h-uile, cha robh aon diubh cho math no a thaitinn ris gach aon a bha làthair ri coinneamh na bliadhna so. Chaidh gach ni air

adhart gu math, agus 'se barail nan uile gu bheil am Mòd an deigh Clanna nan Gàidheal a dhùsgadh suas gu bhi toirt am barrachd aire do chànanain agus do cheòl an dùthcha. Air an turus so bha sia fichead punnd, no sia ceud dolair, air a thoirt seachad mar dhuaisean, air son leughadh, seinn, agus sgrìobhaidhean Gàilig; bha ceud dolair dhe sin air a roinn eadar trìùir mhaighstirean-sgoile, an trìùir a b' fhearr a rinn ann an teagasg na Gàilig anns nan sgoilean ré na bliadhna chaidh seachad. Bha an t-airgead air son sin air a chruinneachadh leis a' <eng>Highland News,<gai> agus 'si ar barail fhéin gur e sin aon dòigh anns am faodar a' Ghàilig a neartachadh gu mor, 's tha sinn an dòchas gu leanar air. Faodaidh sinn tuilleadh a bhi againn ri radh mu 'n Mhòd anns an ath àireamh.

Tha an t-ard-Riaghladair 'sa Bhain-tighearna gu tighinn do'n bhaile oidhche Di-màirt. Theid an toirt ann an carbad troimh 'n chuid mhor de'n bhaile, agus na saor-dhionadairean còmhla riu. Aig deich uairean Di-ciaduin, theid an toirt gu tigh-na-cùrtach far an cuirear fàilte orra an ainm a' bhaile 's na siosrachd. An deigh dhaibh cuairt a chur air a bhaile, falbhaidh iad gu Louisburg. Dior-daoin theid iad gu Sidni Tuath, agus a sin theid iad gus na <eng>Narrows<gai> Mhora, <eng>Baddeck,<gai> agus ma dh' fhaoidte Hogamah. Bidh iad air taghal ann an <eng>Arichat<gai> 's ann a <eng>Hawkesbury<gai> mu'n tig iad gu Sidni. Bidh Mr. Daley, Riaghladar Nobha Scotia, agus am Priomhair Murray, còmhla riutha.

Tha moran de na mèinneadairean a bha diùltadh obrachadh ann an <eng>Pennsylvania<gai> air a dhol air ais gu'n obair, ach tha àireamh mhiltean dhiubh a' seasamh a mach fhathast. Chaidh duin' air fhichead a mharbhadh o chionn da sheachdain air ais le buidheann de mhaoir a bha cumail rian orra. Thug an siorram òrdugh eigin do na mèinneadairean nach do thuig iad (cha thuigeadh a mhor chuid dhiubh Beurla) agus o nach d' rinn iad a reir òrduigh-san, dh'iarr e air na maoir a bha còmhla ris losgadh orra; rinn iad-san sin, agus chaidh duin air fhichead a mharbhadh. Tha sin an deigh fearg agus gamhlas mor a dhùsgadh am measg cuid de na mèinneadairean, agus cha b' iongantach ged a bhiodh e gu math doirbh an toirt gu còrdadh.

Tha Joaquin Miller, fear de na sgrìobhadairean a's ainmeile a tha 's na Stàitean, air a dhol a mach gu Clondaic, agus ann an litir a sgrìobh e o chionn ghoirid tha e 'g ràdh gur e fear Alasdair Domhnullach, a mhuinntir Nobha Scotia, an duine 's fhearr a rium o'n fhuair e an t-àite mach. Chaidh e ann gun ach gann dolair aige, ach an diugh 's fhiach e na muilleinean, agus cha 'n eil e cinnteach nach e 'n duine 's bairtiche th' air an t-saoghal. Buinidh e do <eng>Ashdale,<gai> an siorrachd <eng>Antigonish.<gai>

Fhuir sinn litir an la roimhe bho Iain Mac-a-Bhiocair, a tha fuireach ann an <eng>Rescue,<gai> an stàit Mhichigan. Anns an litir sin chuir e ugainn ainmean ceithir deug de Ghàidheil a tha fuireach 'na choimhearsnachd, agus a tha 'cur a dh' iarraidh MHIC-TALLA. Gu ma slàn do Iain! Na 'm biodh na Gàidheil uile cho dileas d' an cànan 'sa tha esan, bhiodh a chùis gu math.

Tha fathunn a 'dol mu'n cuairt gu bheil cuideachd a ghuail a' cur

rompa an laimhrig a th'aca 'sa bhaile so a chur an uidheam air a' gheamhradh, agus gu'm bi iad a' cur a mach guail oirre air an t-samhradh s'a tighinn. Tha sinn an dòchas gu bheil sin ceart, oir tha e cur call mor air Sidini an laimhrig ud a bhi 'na tàmh, mar a tha i nise o chionn da bhliadhna.

Ann am Baltimore, Di-haoine s'a chaidh, chaidh duin' òg d'am b'ainm Stevens, a bha dol a phòsadh, a thilgeadh le athair fhéin a bha 'na aghaidh. Bha am pòsadh gu bhi ann am feasgar sin fhéin. Cha robh an duin' òg air a mharbhadh, agus chaidh am pòsadh a dheanamh anns an ospadal. Tha an seann-duine anns a' phrìosan.

Chaidh innse dhuinn an la roimhe mu sheana-bhean chòir a tha 'leughadh MHIC-TALLA na h-uile seachdain a thig e mach, ged a tha i air aois cheithir fichead bliadhna 'sa seachd deug a ruigheachd. Agus ni i sin gun speuclair a cheart cho math 'sa dheanadh i 'nuair nach robh i deich air fihichead.

Am MAC-TALLA gu deireadh na bliadhna 1898 air son dolair. Cuir dolair 'ga iarraidh gun dàil.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad
uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart
phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada.
Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanumh innte DUAIS AIRGEID aig
Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe
na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd
air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an
Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus
D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap
Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's
Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus
theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a
chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 109]

[Vol. 6. No. 14. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha side gle fhuar againn fad na seachdain so. Cha 'n eil an
geamhradh a reir coltais, fad air falbh.

Thainig cnap òir gu <eng>San Francisco<gai> á Clondaic, o chionn
ghoirid a thomhais da phunnd us da ùnnsa, agus is fhiach gle fhaisg
air sia ceud. 'Se so an cnap a's motha fhuairadh ann fhathast.

Chaochail fear Uilleam Dooley ann an Sidni Tuath, oidhche na Sàbaid, a bha ceithir fichead bliadhna sa seachd a dh' aois. Rugadh e ann an Eirinn, agus bha e 'fuireach ann an Sidni Tuath o chionn leth-cheud bliadhna 'sa h-ochd.

Tha an trosg gu math pailt air an taobh so de 'n eilean, bho Cheap Nor gu Scatarie, ach tha e gle dhoirbh biathadh fhaotainn, agus mar sin, cha 'n eil an t-iasgach a' soirbheachadh ro mhath idir. Tha an droch shide 'ga cumail air ais cuideachd.

Tha sinn a' cluinntinn gu bheil suim airgeid gu bhi air a chosg ann an leasachadh an rathaid-mhòir eadar am baile so agus mèinn an <eng>Reserve.<gai> Tha sinn an dòchas gu 'n deanar càradh ceart air; bha e gle dhona o chionn treis de bhliadhnaichean air ais, agus 's fhada o'n bu chòir làimh a thoirt air.

Chaidh an t-Urr. Seumas Strothard, ann am <eng>Bridgetown, N. S.,<gai> do 'n eaglais aon oidhche air an t-seachdain s'a chaidh a dh' éisdeachd ri <eng>Crossley & Hunter;<gai> air dha tigh'nn dhachaidh, fhuair e gu robh cuid-eigin air a bhi stigh fhad 'sa bha esan air falbh, agus gu robh ceud gu leth dolair air a ghoid.

Tha Fearchar Calder, fear-lagha, a bha ann am <eng>Port Hood<gai> o chionn àireamh bhliadhnaichean, air a dhol gu Truro, far am bheil e gu bhi an comunn ri <eng>Firman McClure.<gai> Tha <eng>Mr. Calder<gai> gle mheasail ann am <eng>Port Hood,<gai> agus an siorrachd Inbhirnis air fad, agus tha a' chàirdean uile guidhe soirbheachadh math a bhi leis ann an Truro.

Bha na h-iasgairean air cladaichean an iar an eilean a' deanamh cuimseach math fad an fhoghair so, gus an d' thainig am biorach mu 'n cuairt, agus o'n thainig cha ghabh iasg eile glacadh. Mar a tha fhios aca-san a tha eòlach air a bhiorach, ithidh iad am biadh 's an t-iasg as na lin, agus sracaidh iad na lin fhéin, air dhòigh 's nach eil dòigh aig na h-iasgairean air obair sam bith a dheanamh fhad 'sa bhios iad air na crìochan.

Chaidh poit-dhubh a ghlacadh ann an Glendale, an siorrachd Inbhirnis, o chionn beagan us seachdain. Fhuair eadhon i aig fear Fionnladh Mac Cuthais, a tha gu bhi air a thoirt gu ceartas gun dàil. Cha d' fhuair eadhon aige ach aon bhotul dhe 'n stuth a bha e 'deanamh. Thainig am fear-glacaidh a dh' aon ghnothuch á Toronto. 'S i so an treas poit-dhubh a chaidh a ghlacadh ann an Inbhirnis am bliadhna; tha sinn an dòchas nach eil an còrr ann gu bhi air an glacadh. Shaolamaid gu faodadh daoine 'm beòlaid a dheanamh air dòigh laghail.

Chaidh Armenianach, a bha 'siubhal na dùthcha a' creic bathair, fhaotainn marbh air an rathad-mhor aig <eng>Green Oak,<gai> mu dha mhìle dheug a mach á Truro, Di-satharna s'a chaidh, agus a reir gach coltais 'se mhort a rinneadh. Bha peileir air a chur troimhe; fhuair eadhon a chorp 'se fhathast blàth beagan an deigh do 'n urchair a bhi air a losgadh. Cha do leagadh àmhrus air neach sam bith fhathast ach air gille d' an ainm <eng>Lyman Dart,<gai> aois shia

bliadhn' deug, a tha fuireach 'sa choimhearsnachd. Chunnacas esan a mach le gunna air an la ud, agus tha e mar gu 'm biodh eagal air fad na h-uine uaithe sin. 'Se <eng>Asshard Derer<gai> a b' ainm dh' an fhear a chaidh a mharbhadh. Bha da mhàileid aige, agus fhuair aige mu fhichead dolair de dh' airgead 'na phòcaidean.

Thainig cas duine air tir ann an <eng>Aspy Bay<gai> aon latha air an t-seachdain s'a chaidh. Bha an fheoil agus an craiceann gu math slàn oirre.

Dh' fhalbh àireamh mhòr á Sidni 's as gach baile, 's àit eile 'n Ceap Breatunn, gu Halifax Di-luain agus Di-ciaduin. Bha uiread de charbadan a' falbh an da latha sin 's gu 'm b' fheudar da inneal-smùide a chur g' an tarruinn.

Di-luain s'a tighinn tòisichidh an carbad-smùide air a bhi fàgail Shidni tràth 'sa mhaduinn, mar a bha e 'deanamh bliadhnaichean roimhe so. Tha iad ag radh gu faod gu 'n atharraichear an t-àm falbh us tighinn an ceann mìos no dha.

Tha muinntir Shidni Tuath agus na Mèinne Tuath air toiseachadh ri cur na <eng>Scott Act<gai> air obair a rithist. Tha muinntir a bhaile so an dràsda car balbh a thaobh an lagha sin, ach tha e furasda gu leòr fhaicinn nach ann a chionn nach eil feum air.

Chaochail fear Domhnull Mac Fàidein a mhuinntir Mhalagawatch, anns an ospadal, ann a Halifax, la na Sàbaid s'a chaidh. Bha e leth-cheud bliadhna 'sa h-ochd a dh' aois, agus cha robh e anns an ospadal ach trì latha. Thugadh a chorp dhachaidh gu bhi air a thiodhlacadh.

Tha àm sealg nan cearcan-tomain air tighinn, ach leis cho gann 'sa tha na h-eòin sin, cha 'n eil iadsan a tha 'g an sealg a faotainn moran toileachaidh. Thatar a' deanamh a mach gur e cho fuar, 's cho fliuch 'sa bha deireadh an earraich us toiseach an t-samhraidh a dh' fhag cho gann iad am bliadhna.

Tha fios as na h-Innsean ag innse gu 'n do bhrìst drochaid mhòr fo charbad-smùide a bha 'dol thairis oirre, agus gu 'n deachaidh ceud gu leth duine a mharbhadh no bhàthadh. Chaidh mu ceithir deug eile a leònadh gu dona, agus cha d' fhuair as le 'm beatha de na bh' air a charbad ach trì fichead 'sa deich.

Chaidh soitheach a luchdachadh le gual am <eng>Broad Cove<gai> air an t-seachdain s'a chaidh, a cheud soitheach a chaidh a luchdachadh ann o'n rinneadh an acarsaid ùr. Tha 'n acarsaid sin air a deanamh le rathad-uisge a ghearradh eadar an cuan agus loch mor a tha astar beag uaithe; ma chithear gu 'n gabh an rathad sin cumail fosgailte bidh an deagh acarsaid ann, agus cha 'n eil teagamh nach tòisichear air cur a mach a ghuaill le neart. Tha dùil ri àireamh shoithichean a bhi air an luchdachadh ann mu 'n tig an geamhradh.

Iadsan a Phaigh.

Mairi Nic Neill, Iona.

S. I. Mac-a-Phi, Loch Ghabarus.

Bean Mhurachaidh 'Ic Leoid, <eng>Baddeck.<gai>

D. A. Mac Cuthais, <eng>Salem Road.<gai>

Ailein Mac Leoin, <eng>Whitney Pier.<gai>

Niall Mac Leoid, Drochaid na h-Aimhne Tuath.

50c

Seònaid Mhathanach, Drochaid na h-Aimhne Tuath.

Seònaid Ros, cul Bhagh Bhaddeck,

Seumas N. Mac Leoid, <eng>Port Bevis.<gai>

Lachuinn Mac Ghuaire, Amhuinn Mheadhonaich.

Alasdair MacRath, (taillear) Amhuinn Mheadhonaich.

Ceit Dhomhnullach, Beinn Ghillanders.

Murchadh Mac Leoid, Bagh Bhaddeck.

\$2.00

Fionnladh B. Mac Neill, <eng>Gillis' Point.<gai>

\$2.00

Mairi Nic-an-t-Saoir, <eng>Shenacadie.<gai>

25c

D. A. Mac Rath, Baile-Shearlot, E. P. I.

\$2 50

Iain T. MacCoinnich, Baile-Shearlot, E. P. I.

3.00

A. D. Mac Leoid, Baile-Shearlot, E. P. I.

Alasdair Mac-a-Phi, Loch Katrine, N. S.

An. t-Urr. A. Domhnullach, D. D. Antigonish,

\$2.00

An. t-Urr. D. A. Mac Eamuinn, D. D. Antigonish.

Ailein Mac Gille-bhrath, McPherson, P. O., N. S.

Fearchar Mathanach, <eng>Hudson Bay.<gai>

W. I. Domhnullach, <eng>Wolesley, Assa.<gai>

50c

An t-Oil. A. B. Mac Neacail, <eng>Kingston, Ont.<gai>

\$5.00

A. M. Caimbeul, <eng>Aldborough, Ont.<gai>

Uisdean G. Caimbeul. <eng>Sycamore, Ills.<gai>

S. A. Mac Gilleain, <eng>Stirling<gai>

\$3.00

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.

Sinclair.35

Orain Iain Luim

.30

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na

pris ainmichte. Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, -- C. B.

BADDECK, -- C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

IUBILI!
THIG AGUS FAIC!
Ceannachd ur us Prisean ura.
A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.
Niall Domhnullach.
Ceann an Iar a Bhaile.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 110]

[Vol. 6. No. 14. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 107.)

an tilg Prionns' Agib, mac Rìgh Casib, an iomhaidh a th' air mullach
na beinn dhaoimein sìos do 'n chuan; agus an ceann da fhichead latha
's a deich 'na dheigh sin cuiridh am prionnsa so do mhac gu bas."

Thuig m' athair gu 'n robh an fhiosachd so a' co-chordadh anns gach
ni ris a' bhruadar a chunnaic e, agus chuir e trioblaid-inntinn ro-
mhor air. Thug e dhomhsa sgoil is ionnsachadh is fiosrachadh cho
math 's a ghabhadh deanamh. Is e so an coigeamh bliadhna deug dhe m'
aois; agus dh' innseadh an de do m' athair gu 'n do thilg Prionns'
Agib an iomhaidh umha a bh' air mullach na beinne do 'n chuan o
chionn deich latha. Chuir an naigheachd so m' athair gu bron 's gu
tuireadh cho mor 's gur gann a dh' aithnicheadh duine e.

Ged a bha e 'creidsinn gu'n robh an fhiosachd a rinn na reuladairean mu m' dheidhinn fìor, gidheadh dh' fheuch e ris gach nì a dheanamh a ghabhadh deanamh a chum mise 'ghleidheadh o 'n chunnart a dh' ainmich mi. Thog e taigh-fo-talamh anns an eilean gus mise a chur am falach ann gus an rachadh am a' chunnairt seachad, agus cho luath 's a chual' e gu 'n do thilgeadh an iomhaidh do 'n chuan, chuir e misa an so. An ceann da fhichead latha thig e g' am iarraidh. Air mo shon fhein dheth cha'n urrainn mi 'chreidsinn gu 'n tig Prionns' Agib g' am iarraidh do'n aite uaigneach, aonaranach so. So, mo thighearna, na bheil agam ri 'innseadh dhuibh."

Am feadh 's a bha 'n duine og ag innseadh na naigheachd so dhomh, cha b' urrainn mi gun a bhith 'smaointean air cho mi-choltach 's a bha 'n fhiosachd a rinn na reuladairean. Cha robh anns an t-saoghal na bheireadh orm a chreidsinn gu'n robh e comasach gu'n cuirinn an duine og so gu bas. Thuirt mi ris, "Mo ghille math, cuir d' earbsa ann am mathas Dhe, agus na biodh eagal sam bith ort. Cha chuirear gu bas thu fhad 's a bhios tu anns an eilean so. Tha mise ro thoilichte gu'n do thachair dhomh tighinn do'n eilean so a chum do dhion o gach neach a bhiodh ag iarraidh do bheatha thoirt air falbh. Cha 'n fhalbh mi a so gus an tig crìoch air an da fhichead latha mu'n robh na reuladairean a cur eagal ort. Agus nì mi gach nì 'nam chomas a chum do thoileachadh, agus an uine a chur seachad cho cridheil 's cho taitneach 's a ghabhas deanamh anns an aite so. "Na dheigh sin gheibh mi as an eilean so air an luìng leis an tig d' athair g' ad iarraidh; agus an uair a gheibh mi air ais do m' rioghachd fhein, bidh cuimhne agam air a' chomain a chuir thu orm, agus cha dichuimhnich mi caoimhneas a nochdadh dhut."

Thug na briathran so a labhair mi ris misneachd mhor dha. Cha d'innis mi idir dha gu'm bu mhi Agib roimh an robh eagal cho mor air; oir, nan robh fhios aig co mi, is docha gu'n rachadh e as a chaill leis an eagal. Chuir sinn seachad an uine gu h-oidhche a' comhradh mu chaochladh nithean. Thuig mi o 'n chomhradh a bh' eadrainn gu'n robh e 'na dhuine og a bha gle thurail, tuigseach. Ghabh mi biadh comhladh ris; agus bha 'm pailteas bidh aige air ar son le cheile. Thug sinn greis air comhradh an deigh ar suipearach, agus an sin ghabh sinn mu thamh.

O latha gu latha bha mi 'feuchainn cho math 's a b' aithne dhomh ris an uine a chur seachad leis gach toil-inntinn air am b'urraìnn mi smaoineachadh. Ann am beagan laithean dh'fhas sinn gle mheasail air a cheile. Feumaidh mi radh gu'n do ghabh mi tlachd cho mor dheth 's gu'n dubhairt mi uair is uair rium fhein, "Cha'n eil anns na reuladairean a bha 'g radh ri'athair gur mi a bha gus a chur gu bhas ach na fìor mhealltairean. Cha'n 'eil e comasach gu'n deanainn-sa gnìomh cho eucorach ri duine og, neo-chiontach a chur gu bas gun aobhar." A dh' aon fhacal, chuir sinn seachad naoi latha deug ar fhichead ann an cuideachd a cheile cho cridheil, cho cairdeil, agus cho taitneach 's a b' urraìnn a bhith.

Mu dheireadh thainig an da fhicheadamh latha. "Tha mi beo, slan; buidheachas do Dhia, agus dhutsa air son do chaoimhneis dhomh. Bidh m' athar an so gun dail, agus bidh e gle thaingeil dhutsa air son

cho caoimhneil 's a bha thu rium, agus gach frithealadh a rinn thu dhomh. Bheir e dhut gach cuideachadh a's urrainn da a chum comas a thoirt dhut faotainn air ais do d' rioghachd fhein. Ach gheibh thu deiseil uisge teith dhomhsa a chum gu'm fairig mi mi-fhein, agus gu'n cuir mi uman deise ghlan mu 'n tig m'athair."

Gun dail sam bith chuir mi uisge air teine agus an uair a bha e teith gu leor, thug mi g' a ionnsuidh e. An uair a nigh e e-fhein anns an t-soitheach-fharagaidh, agus a chuir e uime deise ghlan leig e e-fhein na shineadh anns an leabaidh. Sgaoil mise am brat thairis air, agus chaidil e gu trom car uine. An uair a dhuig e thuirt e rium, "Thoir dhomh meal-bhucan agus siucar a chum gu'n ith mi beagan, oir tha 'n t acras orm."

Thagh mi an te b'fhearr a fhuair mi, agus chuir mi air trinnsear i. Ach o nach robh fhios agam c'aite am faighinn sgian, dh' fheoraich mi dheth c'aite am faighinn te. Thuirt e rium gu'n robh an sgian a bhiodh aige 'gan gearradh air an sgeilp a bha os cionn a chinn anns an leabaidh. Dhirich mi do 'n leabaidh a dh'iarraidh na sgeine, agus anns an tionndadh dhomh 's an sgian 'nam laimh chaidh mo chas an luib an aodaich, agus gu mi-fhortanach thuit mi air a mhuin, agus chaidh an sgian thun na coise anns a' chridhe aige.

An uair a chunnaic mi mar a thachair leig mi glaodh goirt asam. Bhuail mi mo cheann is m' uchd; agus reub mi m' aodach. Leis mar a bha mi air mo lionadh le bron do-innseadh, thilg mi mi-fhein air an talamh. "Ochan!" ghlaodh mi, "cha robh ach beagan uairean gus am biodh e saor o'n chunnart roimh 'n do theich e an so: agus an uair a bha duil agam gu'n robh an cunnart seachad, mhort mi e, agus choimhlion mi an fhiosachd a rinneadh m' a dheidhinn. Ach, O Thighearn! tha mi 'guidhe ort, thoir mathanas dhomh. Ma tha mi ciontach dhe 'bhas, cha'n 'eil mi ag iarraidh a bhith beo na 's fhaide."

(Ri leantuinn.)

Gnothaichean mora 'n t-Saoghail.

Tha Canada 'fas fìor-ainmeil agus morail am measg rioghachdan an t-saoghail. Cha robh anns na bliadhnachan nach eil fad' air falbh meas anabarrach air bith air Canada. Rinn an rathad mor, fada iarunn a tha ruigeachd bho aon taobh de 'n dùthaich gus an taobh eile, atharrachadh iongantach ann am beachdan nan Sasunnach mu dheibhinn Chanada. Chunnacas gu furasda gu robh a nis slighe dhireach, laidir, air am faodar saigheadaran a ghiùlan an àm cogaidh no ann an amharus cogaidh, ann an cuibhrionn de Bhreatunn fein. Cha ruig Breatunn a leas tuilleadh, cead rìgh no daoine air bith iarraidh, an uair is aill leatha feachd a chur gu Innsean na h-airde 'n Ear. Tha beartas iomadach agus lionmhor ann an comhnardan farsuing, ann an cnuic arda, leathunn, agus ann an lochan 'us ann an aimhnichean brasa, domhainn na h-airde 'n iar-thuath. Tha iognadh fuasach air feadh an t-saoghail a nis, do bhrìgh gu bheil òr ann am pailteas nach gabh rannsachadh fhathast, ri fhaotainn ann an Claondaic agus anns a'

choimhearsnachd fhada, fharsuing, a tha m'a thimchioll. Tha faisg air da cheud gu leth bliadhna o'n chaidh cuideachd Bagh Hudson a chur air chois. Is e seoladair tapaidh, treubhach, a bha 'n Hudson. Thug e ainm fein do 'a chuain-oir is e meudachd cuain a tha aige -'tha air taobh an Iar-thuath de Chanada. Fhuair a' chuideachd so ughdarras bho Rìgh Tearlach II. air gach fonn 'us faiche, air gach loch 'us amhainn, air gach cnoc 'us camus, air gach broc 'us sionnach, agus air gach beathach, mor 'us beag, dubh, 'us geal, 'us dearg, a bha ann an airde-tuath America. Bha gliocas 'us innleachd gu leoir aig a chuideachd so airson stòras a thrusadh agus malairt mhaith tharbhach a dheanadh le craiceann 'us béin nam beathaichean beaga 'us mora 'bha iad fein agus na h-Innseanaich a' marbhadh anns an dùthaich uaigneach, aosmhor ud. Roghnaich a' chuideachd so gu bitheanta, Gaidheil airson cùram a ghabhail de na ionadan iomallach anns an robh iad a' trusadh nam bian a bha iad a toirt thar a chuaird, agus g'an reic aig pris eagallach ann am Breatunn, anns an Fhraing, agus ann an dùthchannan eile. Rinn iomadh ball de 'n chuideachd so moran airgid air an doigh so, agus cha 'n eil na teaghlaichean agus na maithean tearc an diugh a fhuair gach maoin 'us beartas a tha aca bho Iar-thuath America. O'n bha saobhreas co anabarrach a tighinn do 'n chuideachd so, rinn iad gach oidheirp air an t-saoghal a ghleidheadh ann an aineolas madheibhinn nan comhnardan liomhor, torr-

[TD 111]

[Vol. 6. No. 14. p. 7]

ach, feurach, a tha anns an tìr thosdach, reachdmhor ud. Ach cha robh e comasach do 'n chuideachd so, sealbh a ghleidheadh doibh fein a mhain air an dùthaich àluinn as an tug iad ionmhasan luachmhor. Thainig fadheoidh fios 'us cinnte gu bheil an Iar-thuath co beartach, tiorail, siolmhor, 'us gu faod miltean comhnuidh a dheanadh innte 's sonas 'us teachd-an-tìr a chosnadh gu furasda doibh fein. An deigh do aonachadh a bhi air a dheanamh eadar na roinnean eile 'bhuineas do Chanada, chaidh cordadh a dheanamh le cuideachd Bagh Hudson, agus mar so, ged fhuair a chuideachd moran airgid, agus ged tha aca fathast inbhe nach eil gann, no faoin, no suarach, chaidh coir 'us ughdarras thar an Iar-thuath gu leir a thoirt thairis do Chanada. Cha 'n eil ceann no crìoch air a chruinneachd shnasmhor, bhrioghmhor, a tha 'cinntinn ann am Manitoba, agus ann an cearnan eile de 'n Iar-thuath. Is e cruinneachd earraich a mhain a tha na tuathanaich a' togail. Tha 'n talamh co reamhar le leasachadh nan linn, 's nach eil feum air deasachadh cùramach air bith. Ma ruigeas an siol an talamh maoth a tha fo n' fhoid ghuirm, ciunidh fochunn 'us barr craobhach, liontach ann an ùine ghearr a suas. Is ann troimh Chanada, ann an astar fuasach a ruigeas cruinneachd na h-airde 'n Iar-thuath, am baile-rioghail far am bheil e 'dol air bord nam bataichean-smùide 'ghiulaineas e gu Breatunn agus do gach dùthaich aig am bi feum mor air. Cha robh ach pris gle bheag ri fhaotainn ré iomadh bliadhna 'nis le tuathanaich Chanada airson an cruinneachd. Tha pris moran ni 's fherr ri fhaotainn a nis. Togaidh na tuathanaich an cinn 's an

cridheachan gu gaisgeil a nis. Gheibh iad cothrom air an dachaidhean ùra 'chur ann an uidheam cheart, agus air sonas, 'us slainte, 's comhfhurtachd fhaotainn ann am Manitoba agus anns gach cearna eile. Tha sgeula muladach a tighinn thar a' chuan, gu bheil Eirinn 'us rioghachdan eile anns an Roinn-Eorpa, ann an staid bhoichd. Dh' fhailnich am buntata ann an tomhas mor ann an Eirinn. Dh' fhailnich an cruinneachd anns an Fhraing, agus gu sonruichte ann an Ruisia. Tha againne daonnan pailteas de bhiadh, agus tha comas againn moran a sheachnadh, a bheir lon 'us treoir, 'us agh do thirean aig nach 'eil achaidhean a tha giùlan cruineachd 'us arbhair 'us buntata 'tha pailt, milis, fallain, greadhnach.

CONA.

Facal bho "C. C."

A CHARAID:—Moran taing dhuibh fhein agus do "Ghleann-a-Bhaird" air son litir an t-Seanaileir Mhic Gilleain á Eilean Wight, a chur 'sa MHAC-TALLA; agus mar an ceudna air son gu'n tug sibh dhuinn na rainn bhoidheach agus fhaireachail a chuir "Ghleann-a-Bhàird" a null ann a freagradh do'n litir sinn. Cha do shiubhail na bàird uile fathast. 'S fhada bho nach cuala mi dad de bhàrdachd a rinn am barrachd greim air m' inntinn na rinn na rainn ud 'nuair a leubh mi iad. Tha mi lan chinnteach gu'n cuir an t-uasal eireachdail, air son an d' rinneadh iad, luach orra. Gu ma fada beò "Ghleann-a-Bhàird" gu bhi toirt dhuin bho am gu am dearbhadh air àrd bhuadhan inntinn. 'S e mo bheachd gu ma dual dha spiorad bàrdachd a bhi aige. Na biodh e idir an dùil gu'm falaich se e fhein air cùl fath-ainm. Ach ma tha e fhein air son fuireach am falach cha bhrath mise e. Cha 'n abair mi tuilleadh an dràsda. Cluinnidh tu bhuam fathasd an ùine ghoirid mur tig ni anns an rathad.

C. C.

Finan agus Lorma.

A Lorma! c'àite 'n tàmh dhut?
Ionad do phramh c'ait' bheil e?
'N do ghlac an oidhch' thu 'san fhàsaich,
Air aghaidh nan ard-bheann seilge?
Og-bhean an iughair a's caoine slios,
Is truagh nach fhios dhomh do chòmhnuidh;
Ann an còs na creige do thuineach
Aig bile nan sruthan uaigneach.

Ma's a bidh do bhroilleach fliuch,
Bidh i fliuch 's tha 'n oidhche fuaraidh,
Ach tha thu 'ghnàth le m' anam fein,
A ghaol gu ma seimh do bhruadar.
A thaibhsean air osnaidh na h-oidhche,
Buineadh gu caoimhneil ri m' ghaol;
Tha féith air a gnùis 's i ri gàire,

Na seidear i mo ghràdh le gaothaibh.

Caoin is seimh fo dhoinionn nan speur,
Tha m' annsachd fein 'sa h-ùigh air Uran,
Na dùisgear i le ruadh-bhoc an raoin,
No le caochan a ghlinne dhìomhair.
Fhirein fhiadhaich nam beann,
Na biodh d' fharum an gleann mo ghaoil,
Caidil a ghaoil gun smuaircean,
Aig sruthan uaigneach nan iomadh bad.

Mar chagair beacha na bruaiche,
Measg ròsan uaigneach nan alt,
A cromadh fo dhriùchd na maidne,
Thig thusa gu d' chodal a Lorma.
Sèimh gu robh 'ghaoil do thàmh,
'S ma thuiteas pràmh orm fein,
Eirich an aisling mo chodail,
'S biodh do ghnùis gu furasda màlda.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,

Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 112]

[Vol. 6. No. 14. p. 8]

Laoidh.

Ar gràdh biodh dhuitse, Thriath nam buadh,
Air feadh gach ail is linn;
An diochuimnich sinn Triath na slàint',
'Rinn oighre glòire dhinn?

Ar Tighearna, ged 's àrd an glòir,
Os cionn gach dùil a th' ann,
Cha dìchuimnich e mhuinntir ud
A shaor e air a' chrann.

Fhuair e an sin an t-aoibhneas àrd
'Chaidh ghealltainn dà le Dia,
'N uair dh' éirich e o 'n uaigh a suas,
Gu 'dheas-laimh feadh gach ial.

A ghlòir cha chuir àrd-aingle 'n céill,
Oir tha i 'dol thar luaidh;
Gidheadh is e 'phrìomh shòlas shuas,
Peacaich a thoirt o thruaigh.

Air son so rinn e tàmh a bhos,
Is bhàsaich e gu caomh;
Air son so thug e buaidh air bàs,
Is tagraidh nis air neamh.

O naoimh a tha 's gach àite' fo 'n spéur,
Sìor mholaibh e gach lò;
Seinnibh hosanna aite do 'n tì
A rinn le bhàs sibh beò.

Oran Eibhinn Uisteach.

Hug o ri no, ro hu ro bho, cha'n eil a chùis a cordadh rium,
Hug o ri no ro hu ro bho
Dh' eirich mi la na feille, 's trom mo cheann 's cha neònach e,
Hug o ri no ro hu ro bho, etc.
Buntat ùr 's trinnsear maoraich chuir mo ghaol gu bòrd thugam.
Hug o ri no ro hu ro bho, etc.
Dh' fhalbh mi leis an damh bheag lachdunn fiach a faighean drobhair
dha.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Dh' fheith mi gu bial na h-oidhche, cha ro phrìs a còrdadh rium.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Shuidh mi ann an gleannan fraoich ri taobh fear de na dròbhairean.
Hug o ri no ro hu ro bho.
'Nuair chunnaic mi na bha 'gam ionnsuidh chuir iad curam mor orm.
Hug o ro no ro hu ro bho.
Gu ro Bàillidh-Mor na chabhaig 'tagairt a chuid coirichean,
Hug o ri no ro hu ro bho.
Chuir e 'n 'ordan na maoir bheaga mas teichinn gu mointeach air.
Hug o ri no ro hu ro buo.
Cuimhnich gu ruig thu mi maireach 's a màl ad phòc' thugam.
Hug o ri no ro hu ro ho.
Agus roinn dhe'n t-seann "arrears" ceart cho cinnteach comhla ris.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Cuimhnich gu bheil an t-Achd 'nam fhabhor, cha bhi dail nis mo
agaibh.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Thainig Fear Airgead-nam-Bochd is poca beag "morrocco" aige.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Mur a paidh thu 's a mhineid cha bhi idir "vot" agad.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Thainig Marsanta-na-Mine, litrichean na dhòrn aig,
Hug o ri no ro hu ro bho.
Labhair e 's a ghuth air chrith, 'bheil dad idir dhomhsa agad.
Hug o ri no ro hu ro bho.
Mur a paidh thu 'n t-suim uile cha'n urrainn mi an còr thoirt dhuit.
Thainig Marsanta-na-Ti, 's da rìreamh cha do chord e rium,
Thug thu riarachadh do chach ged nach eil fardein dhomhs agad,
Dh' iarr e fiachan bh' air mo mhathair o'n bha mi 'nam og-ghiullan,
Gun d' thainig Marsanta-chotain, botul aig 's gun d' ol sinn rud,
Oirleam gur e dusan not a thuirt e rium bha coir aig air,

Dh' eigh an saor orm le cabhaig, trobhad facal oganaich,
An diugh a gheall thu m' fhaicinn ceart, thoir tarruinn air do
phocaidean,
A' fear 'thug dhomh a chruach a's-t-earreach bha e tacan comhla
rium,
Thoir dhomh not a gheibh am Baillidh 's bheir mi dail 'sa chor dhe
dhut,
Cha'n fhaighinn o fhear-na-cliabh ach siadaire agus rogaire,
'Nuair bu mhiann leam 'dhol dachaidh nochd an clachair 's treodag
air.
Cuimhnich am beagan bha eadruinn gu bheil e deiseil dhomhs agad.
Thainig an Griasaiche air fhianaidh is bha droch bhial gu leor aige,
Thainig an Tailleir an nall 's gun d' fhuair mi dram o'n oganach,
Cuimhnich air a bheagan thasdan bh'agam ort o'n mhon-uiridh,
Thainig an "Travallair" Gallda, srann aig a chuid chleocanan,
Gu ro dearrsa as a bhroilleach agus lainnir as a bhotainnean,
'S ann a thuirt e rium 's a' Bheurla <eng>"You must pay the whole of
it,"<gai>
'S ann a thuirt an gobha rium le truas, gur olc do thuar 's cha
neonach leam,
Cha'n eil mise an diugh 'nam eigin, gleidh fhein ma bhios corr agad,
Gun sheas a Bhainneach as mo chionn, thoir dhomh mo chrun a rogaire,
Riob an Dotair mi o'm chul-thaobh, ghabh mi null a chomhradh ris,
Leth-chrun airson bannochedach Challuim 's mo shalaraidh comhla ris,
Dh' fhag mi uaislean ann an dichuimhne, 's cha do dh' iarr iad grot
orm,
Maighstir Tearlach Ghearradh-Phailteas agus Alasdair Domhnullach,
Rob Fearghustan, Fear-an-Droma, Don'ull Clarc 's fear-Bhoirinish,
Fiachan o bhliadhna gu bliadhna aca airson sioll 's cloimh orm.

Bha beum sléibhe ann an cearna de'n Eadailt air an t-seachdain s'a
chaidh, agus chaidh da fhichead duine a mharbhadh leis.

BAS.

Ann am <eng>Port Morien,<gai> Di-luain an 27mh latha, Domhnull I.
Mac-Gilleain, 58 bliadhna dh' aois.

NADUR EILE.

Tha bean-usal á Montreal a' sgrìobhadh:—"Tha K. D. C. an deigh m'
fhear-pòsda a thoirt o bhi 'na mhathan gu bhi 'na dhuine caoimhneil,
gradhach." Cha 'n e mhain gu bheil esan a th' air fhàgail crosda,
greannach, le droch stamaig, 'na shàruchadh dha fhéin, ach tha e na
throm-uallach air feadhain eile. 'S ann gle ainneamh a gheibhear
sonas còmhla ri neach air am bheil an tinneas so, agus bha lan
aobhar aig a mhnaoi-uasail so air a bhi taingeil do K. D. C. air son
a fear-pòsda a thoirt o bhi cho crosda ri mathan gu bhi 'na dhuine
caoimhneil, gradhach. K. D. C. air son na stamaig, agus <eng>K. D.
C. Pills<gai> air son a chuim.

Cuirear sampuill ugad a nasguidh.
<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.–agus–<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
Agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI – – – – C. B

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN
direach as na muillnean.
(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)
TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.
Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.
Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 113]

[Vol. 6. No. 15. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B. DI-HAOINE, 8 OCTOBER, 1897. No. 15.

Ged tha mi gun Chrodh gun Aighean.

SEISD–
Ged tha mi gun chrodh gun aighean,
Gun chrodh–laoigh gun chaoraich agam;
Ged tha mi gun chrodh gun aighean,

Gheobh mi fhathast oigear grinn.

Fhir a dh' imicheas thar chuantan,
Giulain mìle beannachd uamsa,
Dh' ionnsuidh oigeir a' chuil dualaich,
Ged nach d' fhuair mi e dhomh fhìn.

Fhir a dh' imicheas am bealach,
Giulain uamsa mìle beannachd;
'S faod 's tu innseadh do mo leannan,
Gu 'm beil mi 'm laidhe so leam fhìn.

'Fhleasgaich thainig nall á Suaineart,
Bu tu fhein an sar dhuin-usal;
Gheobhainn cadal leat gun chluasaig,
Air cho fuar 's g' am biodh an oidhch'.

Ged nach eil mo spreidh air lointean,
Mo chrodh no mo chaoraich bhoidheach,
Bheirinn tochar dhuit an ordugh,
Cho math ri te og 's an tìr.

Ged tha mi gun chrodh gun chaoraich,
Cha 'n eil mi gun mhaise 'm aodann;
Dh' fhithinn breacan a bhiodh caol dhuit,
'S dheanainn aodach a [?].

Och! cha teid mi thun na faidhreach;
Cha bhi fearaibh og 'g am fhoighneachd;
'S ann a chaill iad aile sgoinn diom,
'S cha bhi foighneachd air bo-laoigh.

Naile! 's mise tha fo mhulad,
A's mi 'tamh 's an t-seomar mhullaich;
An leannan bh' agamsa an uiridh,
'S ann tha 'n diugh rium cul a chinn.

Naile! 's mise th' air mo leonadh,
Mu òigear a' chuil bhachlaich, bhoidhich;
Gur e sud an sgeul a leon mi,
Thu bhi 'giulan còt' an rìgh.

Naile! 's mis' tha dubhach, deurach,
'N seomar ard a' fuaigheal leine;
Chaidh mo leannan gu <eng>Jamaica,<gai>
'S cìod am feum dhomh bhi 'g a chaoidh?

Am Prìomh-Riaghladair an <eng>Antigonish.<gai>

Bha fleadh is greadhnachas an <eng>Antigonish<gai> Di-Sathuirne so chaidh; Bha brataichean a' sranraich, pioban 'gan sgailceadh, is drumachan 'gam bualadh. Bha sean agus òg a muigh air an sràid, bodaich is cailleachan, nighneagan is gillean, uil' air an eideadh

an còmhdach féille, uile air mhìre gu sealladh fhaighinn de Phrìomh Riaghladair Chanada, Iarla Aberaaidhain agus de 'Bhain-tighearna uasail. Bha da charbad, gach aon air a tharruinn le ceithir eich ghlasa, a feitheamh gus an toirt suas am baile; agus 'nan cuideachd bha moran de charbadan eile.

Thaghail iad an toiseach aig a Phost Office far an deachaidh fàilte a chur orra ann an ainm a bhaile. An deigh so chaidh iad suas gu Oil-thaigh Naomh <eng>Francis Xavier<gai> far an d' fhuair iad failte ann an Gaidhlig, an Laidionn, 's am Fraingis; agus far an d' éisd iad ri roinn thaitneach de dh' òrain na h-Alba. Chaidh iad as a so d'an Chonvent agus gu dearbh bhiodh e duilich bàrr a thoirt air an fhàilte 's an fhuran a fhuair iad an sin. Cha'n fhiach mise ri innseadh cho grinn 'sa bha gach ni-cho taitneach sa bha 'n ceòl-ceòl Gaidhealach air atharrachadh inneal, cho blàth 's cho snasmhor 'sa bha na briathran furain, cho maiseach 'sa bha na caileagan, cha àluinn 'sa bha 'n talla-cha 'n fhiach chionn ged dh' fhiachach cha b' urrrinn dhomh a chòir a dheanamh. 'Nuair a bha so seachad chaidh iad suas gu taigh an Easbuig far 'n do shuidh iad aig cuirm mhor, fhialaidh, fhathail agus chuir so crìoch air latha a thug mor aoibhneas do gach neach.

Annas gach àite thaitinn an t-Iarla 'sa Bhan-Iarla agus an nighean, a Bhaintighearna <eng>Marjorie,<gai> ris gach a[?]. Bha iad cho [?] pròis; agus labhair an t-Iarla le briathran cho caoimheil 's cho tuigseach 's gun do bhlàthaich gach cridhe riutha. Gu' m bu fada beò iad!

So agaibh an fhàilte Ghaidhealach a chaidh a leughadh 'san Oil-thaigh:-

D'a Mhorachd Prìomh Riaghladair Chanada, an Ceart Urramach Iain Gordoin, Iarla Aberreadhain. D'a Morachd Iseabail, Ban Iarla Aberreadhain.

Ma 'se toil bhur Mòrachd e:-

Tha mor aoibhneas an diugh 'nar talla a chionn gun do dheònaich luchd-ionaid a chrùin taghal oirnn, oir ann an dillseachd dhaibhsan a chuir Dia thairis oirnn mar riaghladairean cha gheill luchd-teagaisg agus luchd-foghlaim Oil-thaigh Naomh <eng>Francis Xavier<gai> àite 's àirde do chomunn fo'n ghréin. Ach tha pàirt againn agus pàirt nach beag aig a bheil aobhar sònraichte a bhi fo aoibhneas, chionn tha sinn a faicinn ma'r coinneamh anns an inbhe a's àirde caraid uasal a chaidh àrach fo sgéith nam beann anns an dùthaich ghràdhaich bho'n d' thainig ar sinnsear. Agus ged tha sinne 'n dràs an Albainn Uir, cha'n 'eil an gaol a thug ar n-athraichean do sheann Albainn idir a dol a' mùthadh. Tha e mar an ciadna na aobhar aoibhneis dhuinn bhur faicinn an so 'chionn gu bheil e 'nochdadh dhuinn am meas agus an t-urram a tha ar Ban-rìgh'nn ghràdhach cho tric a sealltuinn do mhùinntir na h-Alba. Tha e sealltuinn gu bheil i mion-eòlach air a h-eachdraidh, air cliù nan Gaidheal anns gach linn, agus gu bheil an t-eòlas so ag innseadh dhi nach eil fo 'riaghladh finne na's toilltinniche air earbsa ann an

gnothuichean cudtromach.

'S iad smaointean de'n t-seòrsa so a tha ag cur blàths an diugh 'nar cridheachan agus a tha 'gar brosnuchadh gus ar gràdh 's ar gairdeachas a chur an céill anns a chainnt a dh' ionnsaich sinn aig glùin ar màthar, a chainnt 'san deachaibh ar tàladh le briathran gaoil, a chainnt anns an d' fhuair eòlas agus gràdh an tùs a stigh 'nar cridheachan. Agus 'nuair a tha 'n inntinn làn de bhàigh agus de dh' aoibhneas 'si so a chainnt a's freagarraiche gus a dùrachd aithris.

Cha'n eil sinn idir aineolach air cliù a chinnidh uasail air a bheilear 'g 'ur sloinneadh. Bho àm Adhaimh Gordoin a chath 's an Talamh Naomh le Rìgh na Frainge còrr a's sia ceud bliabh' air ais bha iad ainmeil anns gach linn. 'S iomadh àit' air am freagarradh facail a Bhàird Mhic-Fhionghain:-

"Cruaidh, dian bha buaidh nan Gordonach,
Bu lionmhor sguab is dòrlaichean
A bhuaibh iad air a chòmhnard
Far an d' thug na slòigh dhaibh ceann."

Ach 's iad so nithean a's aithne do gach aon, agus cha ruigear a leas an dràst a bhi tighinn orra.

'S mor an t-aobhar uail dhuinn ma ta ar Prìomh Rìogh-ladair a bhi de dh' fhuil cho buadhar, 's tha ar n-aighe gu mor air àrdachadh 'nuair a bheir sinn fanear gur a h-airidh e anns gach seòl air cliu a shinnsridh.

Bho na thàinig bhur Mòrachd maille ri Baintighearn' Aberreadhain a Chanada mheall sibh le cheile gaol gach aon le'r bàighealachd 's le'r caoimheas; agus choisinn buadhean arda bhur n-inntinn 's bhur tuigse meas us urram dhuibh anns gach àite.

Tha sibh 'n ur n-onair do'n dùthaich rioghail bho'n d' thàinig sibh agus tha sibh dhuinne mar shamhladh air gach ni a tha flathail agus uasal.

Mìle taing dhuibh ma ta airson bhur ceilidh. 'S fhada bhios e dhuinn na chuimheachn taitnéach; agus tha sinn an dòchas gun gabh sibh gu caoimheil ris an dillseachd 'san dleasnas a tha sinne le'r n-uile-chridhe a' tairgsinn dhuibh.

Bha an t-Iarla 's a Bhan-Iarla ro thaingeil airson na fàilte Ghaidhealach a fhuair iad; agus bho nach rachadh aca fhéin air Gailig a bhruidhinn dh' iarr iad air Miss Gunn, bean-ùasal a bha 'nan cuideachd, freagairt air an son 'sa chànain so, ni a rinn i le briathran gasda, freagarrach, a thug mor thoileachadh do na Gaidheil a bha 'ga h-éisdeachd.

AONGHAS.

Oil-thaigh N. F. X., <eng>Oct<gai> 6, 1896.

[TD 114]

[Vol. 6. No. 15. p. 2]

DAIBHIDH II.

Thugadh faineir gu tric gu 'm bu daoine beaga mic dhaoine mòra; gu'm bu daoine gòrach mic dhaoine glìce. Bha sin, gun teagamh, firinneach a thaobh an aoine mhic a dh'fhag rìgh Raibeart Brus. Cha robh Daibhidh ach mu chùig bliadhn' a dh'aois 'n uair a bhasaich 'athair. Thugadh an t-ainm sin air mar onair ri 'roimh-shinnsir a rioghaich ceud bliadhna roimhe sud. Shuidhich rìgh Raibeart, roimh a bhàs, gu'm biodh Sir Tòmas Randolph, Iarl an taobh Mhuirich, air a dheanamh 'n a Thàinistear, 's e sin 'na àrd-riaghlair, air an rioghachd gus an tigeadh Daibhidh gus aois. Bha Randolph 'n a dhuine comasach, agus bha e 'riaghladh na rioghachd 'an ceartas; car cruaidh, theireadh daoine 'n diugh a bha e. Fhuair e Achd air a dhaingneachadh leis a' chomhairle, gu'm feumadh na h-uile Siorraimh pàigheadh air son gach coltair, no inneal treabhaidh eil' a rachadh a ghoid an taobh a stigh de chriochan na Siorrachd, a chionn gu'm be dleasdanas an fhir-dreuchd sin luchd-braid a chumail fo eagal. Ghabh fear-eigin de dhànadas air iarunn a chroinn fholuch, agus a ràdh gu'n do ghoideadh iad. Fhuair e o 'n t-Siorraimh an t-suim a mheasadh d o na h-iarunn sin. Ach fhuaradh a mach air 'an déigh sin gu'm b' e féin a dh'fholuich iad. Chroch an Tàinistear e air son a chuid cleasachd. B' ann air an dòigh so a bhuin Randolph ris gach fear droch-bheirt. Bha e 'n a shaighdear gaisgeil; agus cha b'fhad' an déigh bàis an rìgh gus an robh e air a ghairm gu dhol air ceann an airm an còdhail an nàmhaid. Thug Eideard Bailiol oidhirp air crùn Alba fhaotainn da féin goirid an déigh bàis a' Bhrusaich. Bu mhac e so do Iain Bàiliol, dheth 'n d'rinn Eideard I. Shasuinn rìgh ma's fhior, agus a dhruid e rìs 'am prìosun 'n uair a rinn e féin air son sealbh a ghabhail air Alba. Fhuair e cead a chois greis an déigh sin, 's chaith e deireadh a làithean 's an Fhraing 'an dìmeas. Thàinig a mhac a nis a nall as an Fhraing, 's thug rìgh Shasuinn cuideachadh dha os iosal, gu rioghachd Alba thoirt o theaghlach a' Bhrusaich, air chumha gu'n aideachadh e rìgh Shasuinn féin mar Ard-uachdaran Alba. Fhuair e àireamh luchd-leanmhuinn a measg dhaoine mòra Shasuinn, agus mar tha 'nàr ri aithris, a measg dhaoine mòr' Alba mar an ceudna. 'N uair a bha Randolph a' cur an airm an òrdugh air son an ceannairceach ud a chuir sios, bhàsaich e bàs grad 'am Baile nan Feasgan, 'am mìos deireannach an t-samhraidh, 1332. Rinn Pàrlamaid na rioghachd Iarla Mhàrr, caraid eile do rìgh, Raibeart, 'na Thàinistear 'an àite Randolph. Cha bu shaighdear Iarla Mhàrr ann; 's bha bhuil. Thàinig Eideard Bàiliol air tìr 's an Eilean-loisgte, 's àireamh Shasunnach 'ga leantuinn.' Fhuair e beagan cuideachaidh air taobh 's ear Alba. Bha Iarla Mhàrr le buidheann de'n arm Albannach air campachadh air monadh Dhuplin, ri taobh amhainn Earna. Agus tha e dearbhta gu'n robh luchd-brathaidh 's a' champ aig', a thug misneachd 'us seòladh do Eideard Bàiliol tighinn orra gun fhios feadh na h-oidhche. Cha robh freiceadan no luchd-fair' aig Mhàrr idir timchioll a' chaimp; agus mharbh daoin' a' Bhàliolaich aireamh mòr de na h-Albannaich, 'n uair thàinig iad orra

gun fhios, agus an Tàinistear féin 'us triùir no ceathrar eile de àrd mhaithean na tìre'measg chàich. Bha Iarla Mharch a' triall gu tuath le roinn de'n arm gus an Tàinistear a chuideachadh; 's 'n uair a chual e mar a thachair chleachd se e féin 'an dòigh co neònach 's gu'n do smuainich an sluagh gur h-ann air taobh a' Bhàiliolaich a bha e. An déigh na buaidh big' ud, ghreas Eideard Bàiliol gu ruig Scoinne, far an d' fhuair se e féin a chrùnadh. Thug e 'n ath starradh as gu ruig Sasunn a dheanamh ùmhachd do Eideard, 's an ath char air ais do Alba gu fleadhachas. Ach cha b' fhad' a mheal e 'n onair. Cha'n fhuilingeadh na h-Albannaich a chluinntinn gu'n robh iad gu bhi air an riaghladh le seirbhiseach do rìgh Shasuinn; 's mar sin rinn iad air son Eideard a rotadh air falbh an taobh as an tàinig e. Thog dithis no triùir de'n fheadhainn bu tapaidh a measg àrd-mhaithean na rioghachd buidheann luchd-leanmhuinn gu folchuidh, 's thuit iad air a' Bhàiliolach 's e air féisd an àite faisg air Annan, 's ghearr iad 'n am mìribh a luchd-coimhreachd, a measg an robh a bhràthair, 's theich e féin air muin eich gu ruig Sasunn le leithid de chabhaig 's nach d' fhuirich e ri 'fhailuinn a chur uime, no diollaid a chur air 'each.

Fhuair Eideard Shasuinn samhladh lethsgheil a nis gu briseadh a steach air Alba, gus an sluagh a pheanasachadh air son an ceannairc. Threòraich e armailt mhòr do Alba, 's chuir e séisd ri Bearuic, baile mor air a' chrìch Shasunnaich. Thog Sir Aindreas Muireagh, a bha nis 'n a Thàinistear, armailt bheag, 's chaidh e gu deas ann 'an coinneamh an t-Sasunnaich. Chuir iad blàr air cnoc Halidoin, mu dhà mhìle o Bhearuic. Chaill na h-Albannaich an latha, 's bha'n Tainistear féin a measg an fheadhainn a thuit. An déigh a' bhlàir so thriall Eideard gu tuath, 's chuir e Bàiliol suas a rìs 'na rìgh air taobh 's iar 'us tuath Alba, 's ghabh e sealbh air cearnaibh deas na rioghachd dha féin. Cha d' fhuair Bàiliol ach àireamh beag de na h-àrd-uaislean gu ùmhachd idir a thoirt da. Agus an déigh caochladh oidhirpean neo-shoirbheachail a thoirt air ceud de na caistealan a bha 'cumail a mach an aobhar rìgh Daibhidh a cheannsachadh, b' éigin da 'chasan a thoirt leis á Alba a muigh 's a mach, agus an déigh sin rinn e atharrais air an dearbh ghnìomh tàireil, fealltach, a rinn 'athair roimhe, ann an toirt seachad riaghladh Alba gu h-ìomlan, 's gu bràth do rìgh Shasuinn; 's mar shamhadh air a' mhagaireachd so thug e dha làn a dhuirn de ùir Alb' agus crùn òir. Ma b'fhior do Eideard III. gu'm bu leòir sud gu làn choir a thoirt dha féin air Alba. Thug e blàthachadh pàighidh do'n Bhàiliolach, a thug a chasan leis do'n Fhraing, 's cha 'n 'eil eachdraidh a' deanamh tuilleadh iomraidh air. Rinn Eideard Shasuinn a nis air son Alba fhaotainn air na h-uile cor. 'An toiseach nan trioblaidean so bha Daibhidh òg Brus ga ghleidheadh 'an Caisteal Dhunbartoin, daingneach co làidir 's a bha 'n Alb' an uair ud. Ach 'n uair a chunncas gu'n robh rìgh Shasuinn 's an eadraigin chuireadh Daibhidh a null do'n Fhraing anns a' bhliadhna 1332, a chum gu'm faigheadh e fòghlum iomchuidh do'n inbhe 's an robh e, agus gu'm biodh e tearuint' o chunnart gus an tigeadh e gu aois. Agus lean an cogadh gun lasachadh eadar Alb' 'us Sasunn am feadh a bha e air chuairt 's an rioghachd sin. Ach cha 'n 'eil eachdraidh a' deanamh iomraidh air gun do sheas an t-arm Albannach là blàir ré na h-ùine sin ris an nàmhad an déigh Halidoin. Bhiodh buidhnean beaga gun teagamh, a' coinneachadh a chéile dhiubh,

timchioll air stéidh chaistealan, agus a' tarruing fol' o àm gu h-àm. Ach an déigh an là fhuiltich ud a dh'ainmich sinn, tha e soilleir gu'n do lean na h-Albannaich a' chomhairl a thug rìgh Raibeart dhoibh, ris a bheil "Tiomnadh an deadh rìgh Raibeirt," air a ràdh. B'e sin, co tric 's a bhriseadh na Sasunnaich a steach air an tìr, gu'n tugadh an gluagh iad féin as do na beanntaibh, 's do na h-àitibh garbh eile a bha feadh na dùthcha le 'n cuid spréidh', 'us gu'n loisgeadh iad na h-uile sion a bha fàs á talamh de 'm b'urrainn an nàmhaid feum a dheanamh; 's gu'n tugadh so air an arm Shasunnach pilltinn air an ais gun dad air son an saothrach. Agus fhuair na h-Albannaich a mach le' m féin-fhiosrachadh gu'm b' e sud dòigh bu fhreagarraiche sam bith air son iad féin a chumail saor o chuing nan Sasunnach. Thàinig Daibhibh air ais gu 'rioghachd féin 's a' bhliadhna 1341. Bha e ochd bliadhna deug a dh'aois' an sin, agus air pòsadh Ioanna, piuthar rìgh Shasuinn. Bha e ro mheasail aig a chuid iochdaranaibh an uair a thàinig e air ais; ach bha aobhar ac' am barail uime chaoclhadh an déigh sin. Bha e ro fhada 'na cheann, ro bhras 'na nàdur, ro dhéigheil air cluich, agus anns na h-uile seadh neo-fhreagarrach air son riaghlaidh.

Mu'n àm 's an tàinig Daibhidh air ais do Alba, bha cogadh eadar Sasunn 's an Fhraing, ni a thug cothrom anail do na h-Albannaich bhochda. Chuir rìgh na Fraing' impidh air Daibhidh briseadh a steach air Sasunn le armailt gus an tarruingeadh e uaithe fein ni-eigin de chumhachd na rioghachd sin. Bha Daibhidh co amaideach 's gun do ghabh e 'n impidh sin o rìgh na Frainge; 's bha e co fada 'na cheann 's gu'm feumadh a ludhd-comhairle, comhairl' a ghabhail uaithe. Ghabh e air aghart gu deas le àireamh mhath shaighdearan, ag oidhirpeachadh a dheanamh air na Sasunnaich an ni is tric a rinn iadsan air Alba, creachadh 'us losgadh le tein' 'us claidheamh. Bha Eideard III. 's an Fhraing an sin. Ach thog na Sasunnaich arm aig a bhail' a

[TD 115]

[Vol. 6. No. 15. p. 3]

chuir iad an aghaidh nan Albannach. Choinnich an dà armailt aig aite ris an abrar Crois Nebhil. Cha robh Daibhidh ach mu thri bliadhna fichead a dh' aois an uair sin, agus gidheadh dh' fheumadh e comann an airm fhaotainn 'na laimh féin. Dh' innis àrd-oifigich an airm dha mar bu chòir na daoine' a chur 'an òrdugh, agus an cunnart a bhiodh ann mur biodh marc-shluagh deiseil air son na fir-bhogha Shasunnach a sgapadh. Cha tugadh Daibhidh éisdeachd do mhòr no do bheag, ach a dhòigh féin a leantuinn. 'S e bun a bh' ann, chaill na h-Albannaich an là. Thuit mòran de 'n àrd-uaislean 's a bhlàr, 's chaidh mòran a ghlacadh nam priosanaich, a measg an robh Daibhldh fein. Lean làmh chli an airm air cath fad an déigh do'n chuid eile an ruaig a ghabhail, tharruing iad an sin air falbh ann an deagh ordugh, agus gu sàbhailt. Bha 'chuid so fo stiùireadh Iarla Mharch, agus Stiubhart Alba. Chuireadh Daibhidh air muin eich mhoir, dhuibh, 's thredraicheadh e 'm fianuis an t-sluaigh uile, mar phriosanach gu Tùr Lunuinn, far an do choinnich e Iain, rìgh na Fraing', a bha co-

ionnan mi-fhortanach ris féin, air a dheanamh na phriosunach cogaidh leis a' Phrionnsa Dhubh mac rìgh Shasuinn. Chumadh Daibhidh aon bhliadhna deug 'na bhraighdeannach 'an Sasunn. Agus lean Eideard re na h-ùine sin air cogadh ri Alba mar a b' urrinn e, le sùil ris an rioghachd a cheannsachadh dha féin gu h-iomlan. Bha cuimhne re ùine fhad' air garg-ionnsaidh a thug e air Alb' an toiseach na bliadhna 1355. Tha meud a challa 'rinn e air an turus ud air a chuimhneachadh leis an Fhéill-Bride-Loisgte. Tha e coslach gu 'n robh araon na Sasunnaich 's na h-Albannaich a' losgadh 's an àm ud. Fadheòidh, 'nuair a dh' aithnich an Sasunnach nach robh feum a bhi ri Alba, leig e cead a choisle le Daibhidh, air chumha gu 'm pàigheadh e còrr maith 'us muillean punnd Sasunnach mar éiric air son a shaorsainn. Ghabh Daibhidh os laimh an t-suim sin a thional co luath 's a gheibheadh e da thir féin. Ach cha robh na muileana co lionmhor an Alb an uair sin 's a tha iad a nis, bha 'n t-airgiod a' tighinn an ceann a cheile gu h-anabarrach mall. Bha na fiachan ud mar chlaich-mhuillinn mu mhuinneal an rìgh, ga chumail 'an seadh àraidh, 'na chiomach, ged a bha 'shaorsainn aige. Agus 's ann a fhuaradh a mach gu 'n robh Daibhidh a' cùmhnantachadh ri Eideard Shasuinn air son oighre 'dheanamh dheth air rioghachd Alba, chionn nach robh duine cloinn' aige fein, air sgàth e mhaitheadh na fiachan da. Ach an uair a thàinig an gnothuch os ceann bùird, b' éigin do'n rìgh sgur dheth. Cha robh na h-Albannaich a' dol idir a ghéilleadh d'a leithid. Bha, mar sin, gnothuch an airgid air fhàgail aig na rìghribh gus a réiteachadh eatorra mar a b' fhearr a dh' fheudadh iad.

B' ann mu'n àm so a bha plàigh ro eagallach air feadh uile rioghachdan na Roinn-Eòrpa. Bha na h-ainmhidhean féin ga ghabhail o aon a cheile, agus eadhon o dhaoinibh, na 'm buineadh iad ri eudach duin' a bhàsaich leatha. Bha i air sgaoileadh feadh Shasuinn greis mhaith mu 'n tàinig i dh' Alb' idir. Theireadh na h-Albannaich "bàs sgreadaidh nan Sasunnach," rithe. Thachair gu 'n robh armailt Albannach cruinn 'am frìdh Shelcirc, 'an ceann deas na rioghachd. Thàinig a' phlàigh 'n am measg gun fhios cionnus. Chaidh cuig mìle de 'n armailt adhlacadh an sin mu 'n do sgaoil iad o chéile. Ach lean a' phlàigh iad do gach cearna de 'n rioghachd. Tha luchd-eachdraidh ag aithris gu 'n do bhàsaich treas earrann an t-sluaigh leatha. Gun teagamh 's i plàigh a b' oillteil', agus is mò chuir de uamhas air daoinibh air a bheil iomradh 'an eachdraidh an t-saoghail.

Bhàsaich Daibhidh II. 's a' bhliadhna 1371, 's an t-seachdamh bliadhna thar dha fhichead de 'aois, agus rioghaich Raibeart Stiubhart, mac a pheathar, 'n a aite.

TEAGHLACH NAN STIUBHARTACH.

A measg an àireimh mhòir luchd-leanmhuinn a thàinig á Sasunn do Alb' an déigh ban-rìgh Mairireit, bha fear Ualter Fits-Alan. Fhuair am fear so an dreuchd urramach sin, a bhi 'na Stiubhart air teaghlach an rìgh ri linn Dhaibhidh I. An déigh sin thàinig an àrd dhreuchd so gu bhi oighreachail 'an teaghlach Fits-Alain. Agus mar sin thàinig iad gu bhi air an sloinneadh a réir an dreuchd, Stiubhartaich. Bha

Ualtar Stiubhart, an seathamh fear de'n teaghlach so 'na àrd-stiùbhart air teaghlach an rìgh ri linn Raibeart Brus. Bha Ualter so 'na shaighdear gaisgeil. Bha Raibeart Brus co riarichte leis an dòigh 's an do chleachd an Stiubhart e féin là Allt-a'-Bhonnaich, 's gu'n tug e dha Margori, a nighean féin, ri pòsadh, an ath-bhliadhn' an déigh sin. Cha robh duine cloinn' eil aig a Bhrusach an uair sin. Thàinig Daibhidh a rugadh an déigh sud, a dh' ionnsuidh a' chrùn aig bàs 'athar. Ach mar a bhàsaich esan gun chloinn b'i 'phiuthar 's a teaghlach a b'fhaisg air an rìgh-chaithir. Thug Uilleam, Iarla Dhùghlais, aig an àm cheudna tàmhadh a dh'ionnsuidh a' chrùn, ged nach robh còir dhligheach sam bith aig', ach gu'm bu duine buaireasach e, a bha ro chumhachdach; agus is gann a b' urrainn na Stiubhartaich leis a chlàidheamh cur 'na aghaidh. Ach fhuair e nighean Raibeart II. gu bhi air a pòsadh ri mhac féin. Thug sin air a bhi sàmhach aig an àm, agus chaidh Raibeart II a chrùnadh an sin gu'n neach a' cur 'na 'aghaidh. Bha e dà fhichead 's a cùig deug 'n uair a thòisich e air rioghachadh. Bha e air bhi na 'dheadh shaighdear 'na òige. Ach bha e nis gu maith trom; agus bha galar 's na sùilibh aig' a bha ga 'n deanamh dearg mar fhuil. Bu duine measail e; ach cha robh e co smachdail, 's co treun 's a dh'fheumadh prionnsa 'na àite-san a bhi, air son ùghdarras a ghlacadh 's a chumail thairis air an t-sluagh. Cha robh smachd sam bith ga chumail orra ri linn riaghladh fann Dhaibhidh, 's bha na cinn-fheadhn', araon a tuath 's a deas air dol ann am fiadh le cogadh 'us creachadh nam measg féin, 's an aghaidh nan Sasunnach. Ged dheanadh rìgh Raibeart sìth ris na Sasunnaich, bha teaghlach nan Dùghlasach, 's cinn-feadhn' eile ris a' chrìch, ga'm faotainn féin aig saorsainn gus an coimhearsnaich Dheasach a chreachadh an déigh sin uile. Agus bhiodh sin a toirt dragh air an rìgh anns nach robh làmh air bith aige féin.

Thàinig buidheann Fhrangach mu'n àm so a chòmhnadh nan Albannach 'an aghaidh nan Sasunnach, 'an dùil gu'm faigheadh iad cliù 's saoihbreas mar dhuais an saothrach. Bha Admaral de Vinne 'na cheannard air na Frangaich. Chruinnich Richard II., rìgh Shasuinn, armailt ro lionmhor a chuir e nall do Alba. Bha na Frangaich a brosnachadh nan Albannach gu là blàir a sheasamh ris na nàmhaid, ach cha deanadh na h-Albannaich sud. Thuirt na h-oifigearan Albannach gu'n faicteadh gu h-aithghearr na Sasunnaich a' pilltinn dachaidh le call mhòran sluaigh, 's gun dad air son an turuis, gun chlàidheamh a tharruing á truaill. B' amhuil a thachair. 'N uair a chunncas na Sasunnaich a tighinn, chaidh tinntean rabhaidh fhadadh air mullaichibh nan cnoc mar a b' àbhaist, aon chnoc, mar gu'm b'eadh ga chur uaithe féin gu cnoc eile. Ghluais an sluagh le 'n cuid spréidhe do 'n ionadaibh a measg nan creag 's nam beann, 's chuir iad ri theine an àitean còmhnuidh. Cha'n fhaigheadh na naimhdean dad a dh'itheadh iad, no duin' air an deanadh iad dioghaltas. Agus an déigh cuairt fhada, sgìth, a ghabhail feadh na dùthcha, phill iad air an ais, a' fàgail as an déigh mòran de 'n cuid daoine 's each a thuit le sgìos 'us ocras. Aig an àm cheudna thòisich na saighdearan Albannach air creachadh an taobh tuath Shasuinn, far nach robh neach a b' urrainn seasamh na 'n aghaidh. Thionail iad pailteas creiche 's bha iad a' caitheadh na h-ùine glé shòghmhor 'e an tìr bheartaich ud, 'n uair a bha na saighdearan Sasunnach a' bàsachadh le goirt 'us

sgìos 'an tìr fhàsal. Thàinig na Frangaich gu aimhreit air son a lughad 's a bha iad féin a faotainn de thuarasdal. Ach cha b'e mhàin nach pàighteadh dad dhoibh sin' an Alba, ach cha 'n fhaigheadh iad cothrom falbh do'n tìr féin gus an gealladh iad pàigheadh air son an cumail suas ré na h-ùine a bha iad 'an Alba. Ach bha 'n Dùghlasach deònach gu leòr air cath a chumail ris na Sasuinnaich 'n uair nach biodh ann diubh ach àireamh cuimseach, ni-eigin cosmhuil ris an àireamh luchd-leanmhuinn a bhiodh aige féin. Bu nàr leis e féin fholuch 'an teugmhail de 'n t-seòrsa sin.

An deireadh an t-Samhraidh 1388, bhris an creachadair so a steach air taobh tuath Shasuinn le buidheann lionmhor luchd-leanmhuinn. Chuir Iarla <eng>Northumberland<gai> a

(Air a leantuinn air taobh 118.)

[TD 116]

[Vol. 6. No. 15. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 8 OCTOBER, 1897.

Domhnull Mac Dhomhnuill.

SEANN GHÀIDHEAL FIACHAIL.

(Eadar. le "Iain Dubh.")

"Robh thu air mhisg na nach robh?"

"Cha robh mi air mhisg ach bha drama agam."

“Gu de na bh’agad do dheoch?”

“Fhuair mi dà dhrama neo trì, na ’s dòcha tuileadh; gu dearbh cha robh mi gleidheadh cunntas orra.”

“Tha fios agad a dhaoine–usail gu bheil caochladh bheachdan aig daoine a thaobh gu de na bhiodh aig daoine do dheoch, ma ’n cainte gu robh e air mhisg.” “Dh’ faodadh d’ thu innseadh c’uin a shaoileadh tu, féin daoine bhi air mhisg?”

“Cha shaoileansa gu robh duine air ’mhisg gus an tuiteadh e far am biodh e na sheasamh, ’s nach b’urrainn dha greimachadh air an fheur far an robh e na laidhe.”

Cha deach an còr cheistean a chur air Dòmhnall an latha sin.

Co-dhùnaidh sin le aon naigheachd eile air Dòmhnall agus na <eng>“supervisors.”<gai> Bha e latha buachailleachd ann an aon dhe na glinn os cionn Loch Fìne. Bha e ’cumail ceithir choin air son an aobhar sin. Bha fear do na gàidserean aig an robh gamhlas do Dhòmhnall, agus rinn e suas ’inntinn gu ’m peanasaicheadh e e na ’m b’urrainn e.

“Gu de tha thu deanamh leis na ceithir choin sin a Mhic Dhòmhnall?” ars’ esan aon latha.

“Tha,” arsa Dòmhnall, “toirt an aire air mo ghnòthaich féin, agus ’s fearr dhutsa an aire toirt air do ghnòthaich féin.”

“’S cinnteach nach ’eil feum agad air na ceithir.”

“Tha, ’s chuirean feum air urad eile na ’m biodh ’ad agam.”

“Chi sinn mu dhéibhinn na cùis sin,” ars’ an gàidsear.

Ann am beagan laithean fhuair Dòmhnall sumanadh gu e féin a nochdadh ann an Dùnoin gu cunntas a thoirt a thaobh nach robh e paigheadh cìs air son a h–aon dhe na coin aig. Bidh fios aig an leubhadair gu bheil coin a th’ air an gleidheadh air son ciobaireachd ’us buachailleachd sàor o ’n a chis bhliadhna.

Fhuair Dòmhnall litir o mhaighstir a dearbhadh gu robh feum aig air a h–uile gin do na coin. Dh’ falbh Dòmhnall gu sùndach gu Dùnoin le ’cheithir choin ri shàil. Thug e dà latha air an t–astar a choisreachd, ach ràinig e air an latha agus an uair shuidhichte.

“Nach ’eil thusa,” ars’ am fear a bha ga cheasnachadh, “a gleidheadh ceithir choin?”

“Tha, le’ur cead, ’s thug mi leam iad gus am faiceadh sibh iad.”

“O! cha ruigeadh tu leis a bhi aig an dragh, ach c’arson nach ’eil thu paigheadh cìs air son gin dhiubh?”

“Tha feum agam air a h-uile h-aon dhiubh.”

“’S cinnteach nach ’eil feum agad air a ceithir co-dhiu?”

“Tha, agus so agaibh litir o mo mhaighstir gu ’n cuirean feum air urad eile na ’m biodh iad agam,”

“Seall dhomh i—Tha sin gu leòr, tha sin a cur crìoch air a chùis a Mhic Dhòmhnuille, faodaidh tu féin ’s do chuid choin falbh dhachaidh.”

“Cha ’n ’eil,” arsa Dòmhnulle, “sin a cur crìoch air a chuis, ’s fada mas eil. Bheil guth gu bhì air mo shaothairsa tighinn a so agus saothair mo chuid chon? Seall air mo chosgais an dà latha thug mi air tighinn agus cosgais nan con, agus urad eile dol dachaidh. ’Bharrachd air a sin b’ fheudar dhomh fear a chur nam àite aig an tigh agus deich tastain ’san latha thoirt dha. Agu s a dhaoine-uaisle cha’n ’eil a chùis seachad mar sin idir ’s cha bhì gus an càraich sibh nam’ dhòrnasa ceithir puinnd—Sasunnach.”

Sheall a luchd-casaid air a cheile ’nuair a chual’ iad so, agus air dhaibh reusonachadh eatorra féin smaonaich iad gu ’m bu ghlic’ dhaibh na cùmhnantan aig Dhòmhnuille a ghabhail.

“Mar sin,” arsa Dòmhnulle, “thainig mise dhachaidh le mo cheithir puinnd na mo phòca. Ach bidh iongnadh oirbh c’arson a thug mi leam na coin gu Dùnoin. Ma ta innsidh mi dhiubh rud nach d’ innis mi dha na <eng>’supervaeors.’<gai> Bha agam ri dol gu Dùnoin co dhiu, gu treud chruidh a thoir dhachaidh dha mo mhaighstir.”—<eng>Highland News.<gai>

Tha an t-Urr. Iain Mac-an-Tòisich, B. D., a bha fad samhraidh no dha a’ searmonachadh an Louisburg, a nis air a shuidheachadh ann an paraiste an siorrachd Hants. Tha am paraiste mor, agus tha trì eaglaisean ann,—aon ann am Maitland, am Milford ’s an Kennetcook. Buinidh Mr. Mac anTòisich do Mhalagawatch, agus choisinn e deagh chliù dha fhéin mar fhòghlumaiche ann an oil-thigh Dhalhousie. Tha MAC-TALLA a’ guidhe soirbheachadh math a bhì leis ’na shaothair.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a’ cumail air adhart air an t-seann laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.

Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prìsean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap

Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 117]

[Vol. 6. No. 15. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha teinntean mora air na <eng>prairies<gai> timchioll air baile Winnipeg, a tha 'cur call mor air na tuathanaich.

Tha fear <eng>Artur Drapeau<gai> air tilleadh á Clondaic gu Ottawa le da cheud mìle dolair de dh' òr. Mu 'n d' fhalbh e do Chlondaic an toiseach bha e ris an obair-latha.

Tha an carbad a nise fàgail Shidni aig sia uairean 'sa mhaduinn, agus cha bhi falbh air ach an fheadhainn dh' an fheudar.

Tha coinneamh gu bhi aig Comunn na Sgoil Shàbaid ann am baile Halifacs Di-luain, Di-màirt, agus Di-ciaduin s'a tighinn. Tha sùil ri àireamh mhath a bhi ann.

Tha Seanadh na h-Eaglais Chléirich cruinn ann am <eng>Moncton, N. B.,<gai> air an t-seachdain so. Dh' fhalbh an t-Urr, <eng>I. F. Forbes,<gai> ministear <eng>St. Andrew's,<gai> Di-luain gu bhi aig a' choinneamh.

Tha iad ag radh gu 'n d' thainig barrachd sluaigh a stigh do bhaile Halifax air Dior-daoin an <eng>exhibition<gai> na thainig ann air aon latha riamh roimhe. Bha an t-<eng>exhibition<gai> gle mhath, agus tharruinn e moran sluaigh.

Chaidh fear Gordon Mac Aoidh, ann am Braid-Albainn, E. P. I., a ghoirteachadh gu dona le tuiteam fo'n charbad-smùide o chionn da sheachdain. Chaidh te dhe 'chasan a phrannadh cho dona 's gu 'm b' fheudar a gearradh dheth.

Thatar a' meas gu robh mu mhile de mhuinntir Cheap Breatunn aig an fhéill ann a' Halifacs air an t-seachdain s'a chaidh. Aon latha bha aona carbad deug as deigh an eich-iaruinn a' ruigheachd <eng>Point Tupper,<gai> agus iad uile làn, Oidhche Shathurna, bha an carbad ceithir uairean anmoch a ruigheachd Shidni; bha e air a chumail air deireadh leis na bha de charbadan eile a' falbh 'sa tighinn eadar Halifacs us Mulgrave.

Tha mèinn òir ann an Nobha Scotia as am bheileas gach mìos a toirt mu thri cheud ùnsa de dh' òr glan. Tha iadsan leis an leis i ann an <eng>New Glasgow,<gai> agus tha iad a' deanamh mìle dolair 'sa mhios oirre, a bharrachd air gach cosguis. Cha mhor gu bheil fhios aig duin' ach iad fhéin 's aig muinntir a' bhaile càite bheil i no gu

bheil a leithid ann idir, ach 'nam b' ann an Clondaic a bhitheadh i, chluinneadh an saoghal m'a deibhinn o chionn fhada.

Chaochail seana mhinisteir de 'n eaglais Lutheran ann an Lunenburg o chionn da sheachdain air ais, an t-Urr. Dr. Cossman. Bha e ceithir fichead bliadhna 'sa h-aon deug a dh' aois, agus bha e 'na mhinisteir tri fichead bliadhna. Ré na h-ùine sin, bhaist e ceithir mìle pearsa, rinn e sia ceud us ceithir fichead pòsadh, bha e aig mìle tiodhlacadh, shiubhail e da cheud mìle de mhiltean, agus rinn e aona mìle deug searmon. B'e aon de na ministearan bu shine bha 'n Nobha Scotia.

Oidhche Di-luain s'a chaidh, bhris teine mach ann an tigh le <eng>Alfred Boutilier,<gai> air sràid Falmouth, agus chaidh a losgadh gu dona. 'S ann eadar uair us da uair 'sa mhaduinn a thòisich an teine, agus bha e air greim math a dheanamh mu'n d' fhuair an t-uisge g'a ionnsuidh. Ghabh an teine greim air mullach a mhansa, a tha ri taobh an tuighe, ach fhuair a chur as mu 'n d' rinn e call mor sam bith. Chaidh sabhal beag a bh' air cùl an taighe a losgadh cuideachd. Cha 'n eil fhios ciamar a thòisich an teine. Na 'n robh stoirm air a bhi ann bhiodh call mor air a dheanamh anns a' bhaile, ach gu fortanach bha 'n oidhche ciùin, samhach, agus cha d' fhuair an teine mar sin cothrom sgaoileadh.

Cha d' fhuair fhathast a mach có thainig ri beatha 'n Armenianaich a fhuair marbh ann an siorrachd Cholchester o chionn da sheachdain air ais. Cha deach a robaigeadh idir, agus cha 'n eil fhios air aobhar sam bith a bhiodh aig duine a mhort. Cha 'n eil fhios nach b' ann le sgiorradh a chaidh a mharbhadh.

An t-Ard-Riaghladair ann an Ceap Breatunn.

Bha an t-Ard-Riaghladair agus a Bhain-tighearna ann an Sidni oidhche Di-màrt agus 'sa mhaduinn Di-ciaduin. Thainig an carbad-smùide a bha 'g an giùlan féin 's an cuideachd a stigh mu leth-uair an deigh seachd, agus an deigh do'n t-sluagh fàilte chur orra aig a chala, chaidh an toirt ann an carbadan troimh 'n bhaile. Bha na taighean agus na stòraichean air na sràidean troimh 'n deachaidh iad air an soillseachadh gu briagha, agus bha àireamh mhor sluaigh 'g am feitheamh anns gach àite 's 'ga fàilteachadh gu cridheil. An deigh cuairt a chur mar sin air a' bhaile chaidh iad air ais do'n charbad, far 'n do chuir iad seachad an oidhche. Anns a' mhaduinn, aig deich uairean, chaidh na saor-dhionadairean 'nan choinneamh le piobaire (Iain Siosal á Pictou, agus 's math am piobaire e) air an ceann, agus threòraich iad iad gu tigh-na-cùrtach far an robh òraid di-beathachaidh air a liubhairt le Mr. Raonull Gillios air son a bhaile. Rinn an t-Ard-Riaghladair òraid thaitneach, anns an d' thug e taing do mhuinntir Shidni agus Cheap Breatunn air fad air son na fàilte chuidheil a chuir iad air fhéin 's air a chéile. Leabhair a Bhain-tighearna beagan fhacal ann an Gàilig, a' cur fàilte air Gàidheil Cheap Breatunn, agus ag innse cho toilichte 'sa bha i bhi 'nam measg Rugadh agus thogadh ise air i' Ghàidhealtachd. An deigh do'n Ard-Riaghladair beagan a labhairt aig dorus tigh-na-cùrtach,

chaidh a chuideachd air adhart dh'ionnsuidh an tighe-sgoile, far 'n do labhair e a rithist, agus far 'n do sheinn a chlann a dha no tri dh' òrain air dhòigh a chòrd ris na h-uaislean anabarrach math. An deigh sin, chaidh iad dh'ionnsuidh a' Chonvent far an d'rinneadh tuilleadh leabhairt, agus seinn; á sin chaidh iad air ais dh'ionnsuidh a' chala, agus an ceann beagan mhionaidean dh' fhalbh an carbad leotha gu Louisburg. Thainig iad air ais gu Sidni air an oidhche. 'Sa mhaduinn'chaidh iad a null air a' bhàt-aiseig gu Sidni Tuath, agus un deigh treis dhe'n latha chur seachad an sin ghabh iad air adhart dh' ionnsuidh nan <eng>Narrows<gai> Mhora. Tha sinn a' cluinntinn gu bheil iad á sin a' dol gu Baddeck agus gu Hogamah mu'm fàg iad an t-eilean. 'Se so a' cheud uair do'n chàraid uasail so bhi ann an Ceap Breatunn, agus 'se 's dòcha nach ceadaich `uine dhaibh tigh'nn ann tuilleadh; ach 'si ar barail fhéin nach bi aithreachas sam bith orra air son a' chuairt so a thoirt, oir chaidh làn dith am beatha dheanamh, agus rinneadh gach ni air an son a shaoil an sluagh a bheireadh toil-inntinn dhaibh, agus a chuireadh urram orra mar luchd-ionaid na Bàn righ'nn.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35
Orain Iain Luim

.30
Gramer Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a

h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

IUBILI!
THIG AGUS FAIC!
Ceannachd ur us Prisean ura.
A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.
Niall Domhnullach.
Ceann an Iar a Bhaile.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 118]

[Vol. 6. No. 15. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 115.)

dhithis mac, Sir Eanruic agus Sir Ralph Perci, 'an coinneamh nan ceatharnach Albannach gu stad a chur orra. Chaidh na fir am badaibh a chéil' air taobh a muigh balla Caisteal Nomha. Theireadh iad Hotspur ri Sir Eanruic a thaobh co bras 's a bha e. Bhuail am fear so agus Iarla Dhùghlais air còmhrag ri chéile mar dhà churaidh. Anns a' chòmhrag so fhuair an Dùghlasach greim air sleagh an t-Sasunnaich, ri mìr grinn de shide air a ghréiseadh le neamhnaidibh air an robh dealbh leòmhain air a tharruing. Thog an Dùghlasach an comharradh buaidh so gu h-àrd os ceann a chloiginn, 's ghlaodh e gu'n tugadh e leis do Alb' e, 's gu'n càireadh e air a' chaisteal féin an Dail-cé e. "Cha dean thu sin gu bràth," ars an Sasunnach, "coisnidh mi fathast mo lann, mu'm faigh thus air t-ais a dh' Alba." 'S ann mar sud a bha. 'N uair a thruis an Dùghlasach de chreich na chaidh aig air, thionndaidh e aghaidh gu tuath. Ach 'n uair a rainig e àite ris an abrar Oterburn, mu fhichead mìl' o chrich Alba, rùnaich e campachadh an sin gun fhios nach tugadh Hotspur oidhirp air a' lann a chosnadh a ris. Bha 'n cluich co milis 's gu 'm bu mhòr am beud leis an Dùghlasach a leigeadh seachad. Mu anmoch an dara feasgar an deigh dhoibh stad, bha na h-Albannaich a' gabhail an suipeir, 's cuid air gabhail mu thàmh, 'n uair a chualas àrd-ghlaodh, <eng>"Perci, Perci."<gai> Bha 'n oidhche soilleir le àirde gealaich. Bha na h-Albannaich an ordugh cho luath 's a ghabhadh e deanamh; sheas na laoich aig a cheile. Chuireadh bratach an t-Sasunnaich mu choinneamh bratach 'an Dùghlasaich. Ach bha triuir aig Hotspur mu 'n aon a bh' aig an Dùghlasach; agus goirid 'an deigh bualadh gu chéile thòisich na h-Albannaich a' dol an coinneamh an cùl. Air faicinn sin do 'n Dùghlasach ghabh e tuagh chath' anns gach làimh 's ghlaodh e mach, "Dùghlas! Dùghlas!" 's réitich e rathad dha féin troimh an nàmhaid. Ach mu 'n gann a bha sin deanta thuit e sios air a leònadh le trì lotaibh bàsmhor, 's cha bu luaithe a bha e ri talamh na chuir Sasunnach eil' an tuagh troimh 'n cheann aige, 's gun fhios aige c o bh' ann. Bha càirdean an Dùghlasaich féin air a

chulaobh 's mu 'n cuairt da, agus air tòiseachadh le neart nuadh a' cur air ais nan Sasunnach. Dhlùthaich Sir Iain Sinclair, a bu charaid dha, ris, 's a' togail a chinn làn fola o'n talamh thuirt e, "Cionnus a tha thu charaid?" "Cha 'n eil ach gu meadhonach," ars an ceann-feadhna, "ach buidheachas do Dhia, cha do bhàsaich ach tearc de 'm aithrichean air an leabaidh. Tha mi guidheadh ort mo bhàs a dhioladh, oir tha mo chridhe a dol an laigead na h-uile tiota: tog mo bhratach a tha air an làr o bhàs an uasail a bha ga giùlan, 's thoir do neach eil' i; ghlaodh Dùghlas! 's na innis do charaid na do eas-caraid nach eil mi 'n 'ur measg." Air a sin bhàsaich e; thilg iad falluing air a' chorp, 's rinneadh mar a dh' iarr e. An uair a chuala na h-Albannaich an glaodh-catha, thionail iad timchioll na brataich, 's bhrùchd iad air ais na Sasunnaich, a thionndaidh an cùl riutha 'an ùine ghoirid. Ghlac iad moran diubh 'n am prìosunaich, a measg an robh Hotspur féin. B' ann mar so a choisinn an Dùghlasach marbh a' bhuidheachas. Thug iad a chorp do Abaid Mhelros, 's chroch iad sleagh an t-Sasunnaich os ceann na h-uaign a rinneadh dha.

Bhàsaich Raibeart II. 'an deadh shean aois, anns an fhicheadamh bliadhna de 'rioghachadh. Dh' fhàg e ceathrar mhac, agus rioghaich am fear bu shine dhiubh, ris an abrar Raibeart III., 'na àite.- Eachdraidh na h-Alba.

Beachdan nan Gaidheal.

Tha cuid ann a tha ag aicheadh gu 'n d' thug na Gaidheil aoradh, aig am air bith, do ni no neach ach dhasan d' an dlighe aoradh: their iad gur tuaileas a tha air a chur orra an uair a theirear mu 'n deibhinn gu 'n robh iad a' toirt aoraidh do Bhàl no do 'n ghrein. Tha iadsan a tha de 'n bharaile so ag radh nach eil na facail, "Bealltainn"-Bàl-teine, agus "miorbhuil"-meur-Bhàil, a' dearbhadh ni air bith, oir, gur e "Beuil," 's e sin beatha-uile, an t-ainm leis an do chomharraich na Gaidheil a mach an Ti ud a's e Ughdar gach ni. Tha iadsan a tha d' an bharaile so a' faicinn, eadhon anns na h-altairean ud, mar a tha an altair faisg air an Oban, dearbhadh cha 'n ann air iodhol-aoradh, ach air an fhior aoradh. Tha na h-altairean so do ghnath air am faotainn ann an sealladh beinne eigin, aig am bheil tri barranna no binneinean; agus tha a' chuid d' an altair air an robh an iobairt air a tairgseadh air mullach cinn na nathrach. Tha a' bheinn, deir iad, 'n a samhladh air an Trianaid bheannaichte-'n a triuir, ach fhathast 'n a h-aon; agus an altair air ceann na nathrach a' leigeil ris na buaidh' a bha ri bhi air a toirt leis an Ti ud a b'e "Siol na mnatha a bhruth ceann na nathrach." Cha 'n eil teagamh nach robh cuid de fhirinn air a measgadh leis gach seorsa saobh-chreidimh agus iodhal-aoraidh; agus bhitheadh e 'n a chuspair gle fhreagarrach do chuid de na h-ard-sgoilearan gleusta a tha 'deanamh comhnaidh leibh, oidheirp a thoirt air solus a chur air eachdraidh bharailean agus ceud-chreideamh nan Gaidheal.

Bheir mi nis seachad sgeul beag eile trid an d' thug na seann daoine oidheirp air ni ann an nadur a mhineachadh. Tha eilean beag 'n a laidhe faisg air corsa aon de eileanan mora Innse-Gall, anns am

bheil e air a radh, nach fhan nathair beo. Cha 'n eil fhios agam am bheil so fìor, ach tha gu leir de nathraichean nimheil anns an eilein mhor. A nis, tha a' cheart ni air a radh do thaobh Eirinn. So agaibh an seol air an do mhinich na seann sgeulachdan a' chuis. Tha e air a radh gur e mir de dh' Eirinn a tha 's an eilean bheag-gu 'n robh air maduinn shamhraidh araidh, anns na linntean ud anns an robh famhairean ag aiteachadh nan cearna so, aon de mhnathan-uaisle nan curaidhean uamhasach sin a' miannachadh sgrìob a thoirt a nall á Eirinn do dh' Albainn. Ann an aite dol air bord luinge no bata, chuir i truissealadh oirre fein a's ghabh i nall troimh linne bhuaireasaich nam beuchd, mar gu 'm biodh neach a' dol thar aite tana na h-aibhne. An uair a bha i 'tarruing dluth air cladaichean na h-Alba leig i sìos an truissealadh a bha oirre; agus 'd e a bha ach an t-eilean beag aice ann an luib a sgiort gun fhios aice air, ged a tha mu dha chota-ban fearainn ann. Thuit an t-eilean an sud, agus an sud tha e fhathast. Tha cuimhne agam aon uair a bhi 'labhairt ri seann duine coir a bha a' lan chreidsinn an sgeoil so. Dh' oidheirpich mi air a dhearbhadh dha cho tur an aghaidh naduir 's a bha an ni. Cha rachadh agam air a chur as a bheachd fein aon lide; agus thar leam gu 'm bheil mi a' faicinn fhathast mar a las suil an duine choir le lan bhuaidh, an uair a chuir e ceisd rium a bha e lan chinnteach a thilgeadh bun os cionn mo mhi-chreideamh anns an sgeul. "Ciamar, mata," ars esan, "a mhinicheas tu a' chuis nach fan nathair beo an Eirinn, agus nach motha dh' fhanas aon beo anns an eilean so?" Cha d' thuir mi-fhein diog, oir bha 'fhios agam gu math ged a dhearbhas tu ni an aghaidh a thoile air neach, gu 'm bi e gun chaochladh bharaill 'n a dheigh sud uile. Is iomadh uair uaithe sin a smaointich mi gu 'n robh reusonachadh an duine choir a cheart cho dìongmholta ris a' cho-dhunadh a chum am bheil daoine foghlumta a' teachd a thaobh iomadh aon de na ceisdean deacair ud a tha an comhnuidh a' teachd f'ar aomhair; oir, ged a ni sinn gaire fochaide air creideamh an t-seann duine mar ni amaideach, agus a dh' ardaicheas sinn beachdan nan teallsanach leis ria h-ainmean, foghlum, agus ealainn, tha cuid dhiubh a cheart cho gorach ri naidheachd an eilein. Cha 'n eil ach bliadhna no dha o'n thug aon de luchd-teagaisg Oil-thigh Ghlaschu seachad barail a thaobh na doighe anns an d' thainig beatha a dh' ionnsaidh an t-saoghail so againne air tus a bha mìle uair na bu mhi-choltaiche na 'n sgeul mu 'n bhan-fhamhair; oir gorach agus mar 'tha a' bharaill, bha e a cheart cho daicheil gu 'n d' thug ise an t-eilean 'n a h-uchd agus gu 'n d' thainig sioga do sin seanair Adhaimh a chum an t-saoghail so air tus mar dhaol, an crochadh ri spitheig bhig a bha air a siapadh o shaoghal eigin eile a chaidh 'n a bhloighdean anns an iarmailt. Chaidh fuadach air barailean faoin nan Gaidheal, ach cuin a threigeas na teallsanaich am beachdan amaideach 's a shiubhlas iad anns an t-solus fhìor a tha 'dearrsadh o ghrein an aigh?

Am MAC-TALLA gu deireadh na bliadhna 1898 air son dolair. Cuir dolair 'ga iarraidh gun dàil.

Gnothuichean an t-Saoghail.

Cha 'n eil ach ùine ghearr o'n thoisich sinn air eolas ceart fhaotuinn mu dheibhinn farsuingeachd uamhasach na h-airde 'n Iar-thuath. An uair thoisich iomradh air rathad-iaruinn a cheangladh comhnardan lion-mhor, leathunn a chearna ud, bha daoine 'saoilsinn gur e amaideachd eagallach a bha am beachd an luchd-riaghlaidh a bha 'creidsinn gu bitheadh gliocas no tabhachd air bith ann a bhi 'nasgadh na tire iomallach ud agus roinnean eile Chanada le rathad-iaruinn. Is ann gun teagamh le dragh anabarrach 'us le innleachd sonruichte 'shoirbhich leis an Ridir Iain Mac Dhomhnuill ann an rathad a dheanamh a bhitheadh fosgailte air feadh na bliadhna eadar an da chuan a tha 'n an crìoch luasganach do Chanada. Is e duine fìor-ghlic, 'us tapaidh, 'us crìonnta, 'us cumhachdach a bha ann an Iain Mac Dhomhnuill. Tha e 'nis tosdach ann an suain a' bhais. Tha gach neach dìreach, onorach, ann an Canada ag aideachadh nach robh riamh anns an dùthaich fear-riaghlaidh co seolta, stolda, treun, easgaidh, ealanta, ri Mac Dhomhnuill. Le moran spairn agus an aghaidh iomadh doilghios agus fanoid, chuir e air chois cuideachd de dhaoine beartach, gaisgeil, a ghabh os laimh rathad-iaruinn a dheanamh agus a chrìochnuich e ann an uine gle ghoirid. Bha iomadh neach ag radh nach paigheadh an rathad so gu brath, agus gu bitheadh e daonnan 'na chulaidh-mhagaidh 's na struidheadh airgid gach bliadhna do 'n dùthaich. Tha e fìor gu leoir gu bheil sinn a' paigheadh riadh trom airson an airgid leis an deachaidh an rathad-iaruinn a dheasachadh. Gidheadh tha oighreachd bheartach, eireachdail againn anns an Iar-thuath. Cha bhitheadh anns an oighreachd luachmhor ud ach dileab bhochd, shuarach dhuinne, mur bitheadh againn comas air dol g'a h-ionnsuidh agus mur faodadh iadsan a tha 'comhnuidh innte gach cruineachd 'us eorna 's gach barr gasda 'thogas iad agus a's urrainn iad a sheachnadh a chur no a ghiulan gu margaidhean mora na Roinn-Eorpa. Tha 'n rathad iaruinn a tha 'nasgadh da thaobh Chanada a soirbheachadh gu maith agus gu romhaith. Tha daoine seolta, tuaireamach, curamach 'ga ghleidheadh an ordugh, agus tha e 'cosnadh moran airgid. Is i a' cheisd chudthromach a tha 'nis ag iarraidh fuasglaidh, ciamar a bhitheas e comasach toradh trom 'us iomadach na tire uire, shasmhoire ud, a thabhairt ann an uine iomchuidh gus a' mhargadh a's modha 's a's fearr. Tha dochas laidir againn, o'n tha iomradh co fabharach, 'us co cliuiteach air feadh an t-saoghail mu na h-ionmhasan iongantach a tha air uachdar a' ghrunnd, agus fo 'n fhoid ghuirm, agus fo 'n chreig chruaidhe, anns an Iar-thuath, gu tig thar a chuan le deothas 'us dealas duineil, sluagh lionmhor a ni tuineachadh anns an tir ud, agus a dh' fhosglas suas le gairdean laidir, farumach, an storas miorbhuileach air am bheil samhchair nan linn fathast a' luidhe. Chunnaic daoine furachail bho cheann iomadh bliadhna gu bitheadh feum ann an uine ghoirid air rathaidean-iaruinn eadar Manitoba agus roinnean eile na h-airde 'n Iar-thuath, agus Bagh Hudson. Bu ghnath le cuideachd Bagh Hudson longan a thoirt a stigh thar a chuan bho Bhreatunn gu ceann an iar a' bhagh ud. Cha 'n eil fios cinnteach fathast cia co fada 's a tha 'm bagh fosgailte anns a' bhliadhna, agus co-dhiu a tha e comasach bàtaichean-smùide laidir a sheoladh le

tearuinteachd anns a' bhagh so ré ceithir no coig de mhiosan anns a' bhliadhna. Cha 'n eil eolas pongail, ceart againn fathast mu 'n bhagh fharsuing ud: mu gach creag, 'us ros, 'us sruth, 'us camus, 'us aite tana 'tha bho 'bheul, agus air gach taobh mu 'n cuairt da. Tha reotha cruaidh ré cuibhrionn mhor de 'n aimsir mu thimchioll a' bhagh: agus tha 'n t-seoladaireachd gle chunnartach, 'us gle dhuilich do bhrìgh gu bheil cnuic arda de'n eigh a cuartachadh a' Bhaigh. Tha gach duine cinnteach aig a bheil eolas air an Iar-Thuath 's air gach barr is ionmhas a ghiulaineas e; gu bitheadh maith mor air a charamh oirre; us gu rachadh i air a h-aghaidh le ceum foirmeil deifireach—nam bitheadh rathad—iaruinn a ruigheachd Bagh Hudson, 'us nam bitheadh e comasach re 'n t-samhraidh do longan agus do bhataichean—smùide tighinn o'n Roinn-Eorpa thar na fairge bheucaich agus dol air an ais o'n Bhagh le luchd trom de chruinneachd us de gach barr 'us bian, 'us de gach damh 'us each 'us caora 'tha r' am faotainn ann am farsuingeachd reamhar shultmhor na h-Iar-Thuath. Rinneadh oidhirp o cheann bliadhna no dha air eolas feumail 'us seasmhach fhaotuinn air a' Bhagh 's air gach sruth 'us creag 'us acarsaid a bhuineas da. Tha aig an am so fein, daoine ealanta anns a' Bhagh a chuir luchd-riaghlaidh Chanada suas an toiseach an t-samhraidh le bata smuide chum gu gabhadh iad beachd 'us dearbh-bheachd air a Bhagh; air an am anns am bheil an t-slighe eadar e-fhein agus an cuan fosgailte; air cia co domhainn 's a tha na h-uisgeachan aige; agus mar an ceudna cia co pailt 's a tha na mucan-mara, agus mar so cia co mor 'us cia co tarbhach 's a dh' fhaodas an t-iasgach a bhi ann. Tha dochas laidir againn gu tabhair na daoine so sgeula maith leo air an ais, agus gu tòisich gun mhoille dichìoll 'us aghartas ann an rathad—iaruinn a dheanamh gu Bagh Hudson.

CONA.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION—CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.—agus—<eng>127 State St Boston, Mass.<gai>

D. A. MacFHIONGHAIN,

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.

Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.

SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 120]

[Vol. 6. No. 15. p. 8]

Oran

A rinneadh le Mhaoilish Mhic Ille-mhaoil ann an <eng>Finch,
Ont.,<gai> air leabaidh a bhais.

Tha mi fo phramh 's mi gun sunnd gun abhachd
'S mo chridhe craiteach fo mhoran sgios
Gun d' fhalbh mo chaileachd mo lus 'us m' aileachd
A stri ri cacha cha teid mi chuidh.
Gun d' fhalbh mo speirid, tha mi air geileadh,
Mo neart a threig mi 's mi air mo chluidh,
Nach bochd an t-eacail a lot cho geur mi
'S a dh' fhag gu leir mi 'nam chaisil chruinn.

Ach O, mo thruaighe, nach mi tha truagh dheth!
'S mi air mo chuaradh an ioma càs,
Mo chom air cruachadh 's mo neart air fuadach,
Mo làmh bho 'n ghualain air shorg gun stà.
Mo chasan cuaileach air fas mar bhualtean,
Gu 'm bi iad fuar air an latha bhlàth,
'S e 'n t-eucail bhuan dhomh a rinn mo bhualadh,
'S a bheir do'n uaigh mi an ùine ghearr.

Nach beag an t-ioghnadh ged bhithinn tùrsach,
'Sa nis am mùthadh air tigh'nn am chòir,
Bha greis dheth m' ùine 's bu mhor mo dhùil
Ri gu faighinn cùisean a chur air dòigh.
Gach latha brùite chaidh mi gu m' dhùlan,
'Us falus drùiteach a tigh'nn roimh m' fheòil,
'S a dh' aindeoin cùram is aird na h-iunnsaidh
'S e 's fheudar crùban an so fo leòn.

Gu'm b'e sid m' àbhaist 'nuair bha mi slàinnteach,
Bu mhiann leam abhachd 'us sunnd 'us ceòl,
Bhi mair ri càirdean gu cridheil gàireach,
A cuir ri ràbharst 's a gabhail spòrs.
Ach dh' fhalbh an là sin 's cha till gu bràth e,
Tha mis an àite sud a faighinn bròin,
Cha'n aois a chràidh mi ach iargain shàraichte
A thug a bhàn dhiom mo neart 's mo threòir.

Bha greis dheth m' làithean a bha mi làidir,
A stri 'sa spàirnn gu'm bu mhor mo shunnd,
Mo bheachd gu dàna gu'm mairreadh slàinte,
'S nach tigeadh fàilinn a feasd a'm lùih.
A nis bho 'n thàrladh gu'n d' fhuair mi 'n cràgh-lot,
Gach cas 's gach lamh air an cur fo chuing,
Gun chomas tàrsin a shealltain nàbaidh,
Ach suidhe sàmhach an os leam fhìn.

A shaoghail bhreugaich, gur beag mo spéis dhiot,
'S cho tric 'sa dh' éignich thu mi bho'm chòir,
Bho'n dh' fhalbh ma speirid cha dean thu feum dhomh,
A dh' aindeoin éigin gan tig 'am chòir.
Gach gealladh breugach a thug thu riamh dhomh
An dùil gu'n lionadh tu mi le d' phròis
Le ruith gu diamhain a stigh fo'd liantaibh
Le sid a dheanamh gu faighinn stòr.

'S a nis a dhaoine 'fhuair tuscse 's faoghlum
Air staid an t-saoghail 's air 'uile ghnà,
Ciamar dh' fhaodas sibh ruith cho faoin leis,
Na 'n dùil gu faod sibh bhith feasda slàn.
Ma bhios sibh smaoineach gur mòid ur gaol air
Tha 'm peacadh daonnan an cos na stràichd,
Ur n-olc cha shaor e nuair gheibh an t-aog sibh,
'S a dh' aindeoin aon ni gu faigh sibh bàs,

A shaoghail ghrànnda! nach meirg bheir gràdh dhut,
'S cho tric 's tha 'n àithne cur saragh oirnn,
Bho'n pheacaich Adhamh an tùs 'sa ghàradh
Gur bochd an fhàgail tha aig ar seòrs'.
Ar miann tha ghnà chum maoin a thàrsinn
Ged thuirt ar Slànaighear mu luchd a stòir
Gu 'n teid an càmhail roimh chrò na snàthaid
Mu'n teid fear saibhir a stigh chum glòir.

An tùs ar làithean 'us teachd ar nàdair
Tha ioma fàilín gle làidir òirnn,
Gur h-aobhar tàir e ma ni sinn àicheadh
Gach fasan gràinneil tha measg an t-sloigh.
Mur bi sinn riomhach gu faigh sinn di-meas,
Gu'n teid ar dìteadh air iomadh dòigh,
Cha 'n fhiach an fhìrinn ged theid a h-innseadh,
'Sa h-uile mi-loinn is uaisle glòir.

'S a mhuinntir rùnach, nach mor an diubhail
Cho beag 's tha chùram an diùltais oirnn,
'Nuair thig a chùis ud cha ghabh e dióltadh
'S cha'n fhaigh sinn ùine gu cur air dòigh,
Bidh breitheamh dlùth oirnn 's gur ceart an cunntas
Gu faic ar sùilean gach uile ghò
A's peacadh drùiteach rinn sinn a ghiùlan
'S gun tug sinn rùn dha le 'r n-uile dheòin.

A nis a chàirdean, cho fad 's is dàil e
Bithibh trà air ur cur air dòigh,
Ma thig am bàs agus sibh am fàilín
Gu'n teid ur n-àicheadh aig bial a mhòid.
Sin an uair a's leir dhuibh am math a thréig sibh
'S a h-uile h-éucoir d' an tug sibh deòin,
Gun chomas réite tha diùltas Dhé oirbh
An teine péine 'gar cumail beò.

Nach meirg do dhaoine bheir spéis do'n t-saoghal
'S do nithean faoine nach mair ach gearr,
'Se 's còir bhi daonan ri stri 's ri saothair
Gun fhios de 'n taobh air a faigh sinn bàs.
An Dia thug gaol dhuinn 'sa cheannaich daor sinn
Toirt cuireadh saor dhuinn a chum na slàinte,
Tha 'thobar faolidh, cha ghabh e traodhadh,
'S e mach a sgaoileadh bho'n Charraig lann.

Cuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine

Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN
direach as na muillnean.
(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)
TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.
Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.
Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 121]

[Vol. 6. No. 16. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B. DI-HA0INE, <eng>15 OCTOBER, 1897. No. 16.<gai>

Litir a New Zealand.

O chionn treis a dh' ùine air ais cha robh mi a' sgrìobhadh cho tric

'sa b' àbhaist dhomh; cha b' ann idir le cion toile, ach bha mi motha 's driopail re na h-ùine sin le gnothuichean mo dhreuchd, gnothuichean air nach b' urrainn mi dearmad a dheanamh idir. 'N uair a bhios mi a' sgrìobhadh mar so, tha mi mar gu 'm bithinn na b' fhaisge air mo chàirdean, agus ann a bhi 'conaltradh riu, tha pailteas ri innse.

Cha 'n eil a' cheud sealladh de'n dùthaich so idir taitneach; tha moran di fo choille, agus a chuid nach eil tha e air a chòmhdach le rainneach an àite feòir agus fochainn. Tha na cearnan so garbh, cnocach, ach gun bheanntan cho àrd 'sa tha iad anns an eilean a deas; tha iad an sin còrr us deich mìle troigh a dh' àirde. Tha aon chnoc gun bhristeadh, coltach ri cnàimh-droma, o'n dàrna ceann de 'n eilein dh' ionnsuidh a' chinn eile. Tha an druim sin a' dealachadh nan uisgeachan gus gach taobh. An àiteachan tha cinn nan gleann a' tighinn faisg air a chéile, agus tha sin a' fàgail na droma caol, corrach. An aon àite àraidh chaidh duine mor, tapaidh, casa-gòbhlach air an druim, cas air gach taobh. Bh' uaithe sin tha spuìrean agus phabh-tean a' sineadh agus a' leudachadh a mach mar gheugan craoibhe an talamh còmhnard. Tha uisge ruith eadar na spuìrean a tha deanamh allt, tha na h-uillt sin 'g am falamhachadh ann an amhuinn a tha 'togail cinn aig bonn an droma far an deach an duine dh' ainmich mi casa-gòbhlach. Tha coille mhor eadar na spuìrean, no anns na glinn so, a tha toirt fàsghadh agus dubharadh do spréidh anns an t-samhradh. Tha an druim so cho cnocadh an àite sam bith eile 's gu bheil i duilich a leantuinn. Neach a tha eòlach leanaidh e ceum nam mucan-fiadhaich. Tha rathad-mor aca troimh 'n choille agus ceum an dàrna taobh chun an uisge. Aithnichidh am fear eòlach na h-uile car a tha mhuc a' cur dhith air son an druim a leantuinn. O chionn da fhichead bliadhna chuir am fear-riaghlaidh airgead air leth air son "Rathad-mor a' chinn-a-Tuath" fhosgladh. Bha an dùrachd math, ach cha robh an cleachdadh. Bitear a' deanamh a leithid sud air son toileachadh an t-sluaigh. Chaidh fear-tomhais no fear-ruith rathaid a chur air obair, agus chaidh e air adhart astar mor. Bha e-fhéin agus a sgioba ag obair air tuarasdál latha, agus bha iad a réisd coma ciamar a bhiodh an rathad. Bha e 'dol o chnoc gu cnoc, an àiteachan cho fìor chas 's gu 'n saoiladh neach gur h-ann a bha e air an t-slighe dh' ionnsuidh na gealaiche. Sin 'nuair fhuair iad a mach gu robh an druim na lùban bho thaobh gu taobh, tarsuinn an dùthaich coltach ris an litir S. Chaidh "Rathad-mor a chinn-a-Tuath" an sin 'na cheò. 'Nuair a chaidh fearainn a thogail, chaidh eòlas a chur air an dùthaich, agus tha nise rathaidean matha air an deanamh troimh na glinn agus troimh àitean anns am bheil sealladh greadhnach. Tha iomadh seorsa talmhainn anns an dùthaich. Gu tric tha 'n talamh a's fhèrr air mullach nan cnoc. Tha cuid de a tha gle mheallta; chuir e iomadh duine gu bochduinn a bhi stri ris. An talamh a's fhèrr a th' anns an dùthaich, theirear ris, "talamh crìth-thalmhainn." Tha e ri fhaotainn ann an iomadh cearna de 'n dùthaich, bho mhìle gu còrr us deich mìle acaire anns gach àite. Tha talamh eadar-dhealaichte làimh ris, mar a's trice an talamh a's miosa, agus faodar sgian a chur eatorra. Thog an talamh so a cheann 'nuair a bha 'n dùthaich beothail le beanntan-teine. Tha àireamh bheag de na beanntan-teine so againn fhathast. Tha cnuic ann an àiteachan a tha togail an cinn mu cheud troigh a dh' àirde. Tha

slochd domhainn no cupan ann am mullach gach aoin dhiubh, agus fosgladh anns an darna taobh dheth air son ruith a leigeil leis an smùir 's na clachan leaghte 'nuair a bha iad 'nan teine. Tha beinn de 'n t-seorsa so faisg air baile mor Auckland; chithear i astar fad air falbh. 'Nuair a thig coigrich do 'n dùthaich, theid iad gu mullach na beinne sin, agus chi iad sealladh briagha air an dùthaich fad us farsuinn. Tha cuid eile de na cnoic a dh' ainmich mi nach eil fosgailte 'nam mullach idir. Cha robh a' chrith-thalmhainn cho fìor bhras far am bheil iad sin. Chaidh an talamh a thogail suas 'na mheall mor gun bhristeadh air idir. Tha am fearann an sin air dath donna-ruadh, agus tha e gle fhuasgailte, agus ann an àiteachan àireamh throighean a dhoimhnead. Togaidh e fiar no barr eile gun mhathachadh sam bith. Tha an talamh so neo-chumanta math air son spréidhe; fasaidh iad reamhar an ùine ghoirid. Chaidh a h-uile ploc dhe 'n fhearann so a thogail leis a' cheud sluagh a thainig ann, ach tha moran de fhathast aig na Maoraich. Tha pris mhor air, eadar coig us deich puinn Shasunnach an t-acaire. Tha cuid de 'n talamh so air am bheil moran chlach, a tha gle chosdail ri 'n tional, ach a tha gle mhaireannach ann an gàraidhean.

An talamh a tha cumanta an so, 'se sin criadh mhin, throm, tha e duilich obrachadh ach tha cuid de na thalamh math. Cha 'n eil machraichean no talamh eadar-bheanntan idir farsuinn anns a' chearna so. Ach anns an eilean a deas, tha na beanntan ard, na h-aimhnichean a' sineadh a mach, agus tha farsuinneachd mhor eatorra. Cha 'n eil am fiar a' fàs an so gu nàdurra mar tha e ann an America, ach anns an eilean a deas tha fiar-fiadhaich a' fàs gu pailt; an sin tha barrachd de dh' ùir dhubh air uachdar na creadha, 's tha 'n reothadh a' deanamh an talmhainn na 's fhuasgailte. Tha an siol-cur a' fàs an sin le sgapadh air uachdar an talmhainn. Cha dean e sin ann an so; feumar an talamh a thionndadh mu'n togair fiar. 'S e rainneach an ni a's pailte tha 'fas an so; air cnoc no air sliabh cha 'n fhaicear ach e. Tha e fàs gle mhor, agus tha e duilich a dhol troimhe. Bidh na Maoraich ag ithe nam freumhan aige. Bithear a' losgadh an rainnich na h-uile bliadhna. 'Nuair a tha e òg a' fàs 'san earrach, tha e na bhiadh math do spréidh. Cha 'n eil 'ga losgadh a' deanamh feum sam bith d' an talamh, oir tha 'luath air a toirt air falbh leis an uisge, a chionn an talamh a bhi cho cruaidh. Ma bhithear 'ga ghearradh tric theid as dha gu buileach.

IAIN ROTHACH.

Tha fear-eigin a tha sgrìobhadh ann an aon de phaipearan-naigheachd na seann dùthcha a toirt iomraidh air a' Chlondaic, agus ag radh gur h-e 'n ni a's iongantach leis fhéin ann a bhi leughadh mu'n àite cho aon-ghuthach 'sa tha iadsan a th' air tilleadh as ann a bhi toirt comhairle air muinntir eile fuireach aig an tigh, ged a tha iad aig a' cheart àm ag aideachadh gu bheil an dùthaich a cheart cho làn de'n òr 'sa bha 's an ainm. Tha e deanamh a mach nach eil an sin ach an fhàgail a bh' aig mac an duine riamh, mar a's motha gheibh e-fhéin de nithean matha 'n t-saoghail 's ann a's deigheile e air daoine eile a chumail o bhi mealtuinn an cuid fhéin de na ceart nithean sin.

Na dean dearmad air innse do d' nàbuidh nach eil a' gabhail MHIC-TALLA, gu faod e fhaighinn uaithe so gu ceann na bliadhna 1898, coig miosan deuga, le pris bliadhna (\$1.00) a chur air adhart.

[TD 122]

[Vol. 6. No. 16. p. 2]

Gnothuichean an t-Saoghail.

Thill an luchd-amhairc a chaidh suas aig toiseach an t-samhraidh gu Bagh Hudsoin. Is e teachdaireachd nach eil idir fabharach a thug iad leo air an ais. Ma tha 'n sgeula 'tha iad ag aithris fìor, is muladach da rìreadh a tha gach dochas a bha sinn ag altrum gu bitheadh e comasach bàtaichean-smùide dìongmhalta 'chur ré cuig miosan de 'n bhliadhna bho 'n Roinn-Eòrpa gu Bagh Hudsoin, aig am bheil meudachd fairge mhoir, agus a tha ruigheachd astair anabarrach ann am meadhon nam fasaichean 's nan comhnardan brioghmhor a bhuineas do Chanada anns an Iar-thuath. Is e mo bheachd fein, gu bheil moran de 'n ghealtair anns na laoch a thill le teachdaireachd thuirseach bho Bhagh Hudsoin. Tha iad ag radh gu bheil aitean creagach eu-domhain anns a bhagh, gu bheil ceo tiugh dorcha gu minic ann, is nach eil tighean-soluis lionmhor no idir ann. Tha iognadh mor orm fein gu bheil na gaisgich ud ag innseadh dhuinn nach tug an deigh moran dragh no cunnairt doibh am feadh a bha iad a' seoladh anns a' bhagh. Tha 'n naigheachd so fabharach, oir tha fios againn a nis nach cuir an deigh grabadh air bith air seoladh nan long 's nam bàtaichean-smùide 'ruigeas am bagh bho dhuthchannan cein ré ceithir no cuig miosan de 'n bhliadhna. Tha 'n luchd-amhairc a chaidh gu Bagh Hudsoin aineolach air an fhirinn so: gu bheil e comasach aitean eu-domhain a dhoimhneachadh, gu bheil e comasach creagan a chuir as an rathad, agus nach eil e idir duilich tighean-soluis a phlanntachadh an sud agus an so, airson leus-stiuraidh a thoirt do na maraichean a bhitheas a' seoladh anns a' bhagh. Dhoimhnich na h-Albannaich Amhainn Chluaidh, agus a nis far am faodadh neach coiseachd thar an amhainn ann am meadhoin na linn so, tha longan mora 'us trom cogaidh a' snamh gu furasda, oir is ann ri taobh na h-aimhne 'tha iad le innleachd 'us le tapadh iongantach 'us foghainteach air an togail. Chaidh amhuinn aluinn Lawrence a' dhoimhneachadh am measg creagan 'us ionadan eu-domhain, eadar Cuibeic 'us am Baile-rioghail, agus a nis tha faisg air deich troidhean fichead anns an t-sruth-chlais anns am bheil longan 'us bàtaichean mor a' chuain ag imeachd eadar an da bhaile ud. Tha e soilleir gu leoir, nach ann do chabhlach Bhreatuinn a bhuineas na seoid a chaidh suas a rannsachadh a' bhagh. Faodaidh sinn a bhi 'creidsinn, mata, gu bi e comasach, le dichioll seolta, do bhàtaichean-smùide laidir mar tha 'm Fram anns an deachaidh an Lochlunnach meamnach, neo-sgathach, Nainsein, gu fada mu thuath, dol a mach agus a stigh le malairt de gach seorsa, do 'n bhagh a dh'orduich nadur fein a bhi 'na shlighe fhosgailte fhurasda eadar Iar-thuath Chanada agus an saoghal gu leir. Co aig am bheil fios air

gach rioghachd statail beartach a thig á fasaichean 'us comhnardan an airde 'n Iar-thuath anns na laithean a tha ri teachd agus nach fhaic MAC-TALLA no mi féin. Tha mi cinnteach gu teid ann an uine ghearr gach trioblaid, 'us dragh a tha anns a' bhagh a chur gu buileach air falbh, agus gu bi rathad-iaruinn a ruigheachd ciun a' bhagh, agus gu bi bàtaichean-smùide trom, treun, eireachdail, a giulan maoin 'us storais na h-Iar-thuath gu dùthchannan na Roinn-Eòrpa 's a giulan thar tonnan beucach na fairge moire, iomadh ni 'us innleachd air am bì feum aig luchd-aiteachaidh na h-Iar-thuath. O cheann iomadh linn rinn iasgairean nan Stàitean moran saobhreis le bhi 'g iasgach ann am Bagh Hudson. Is e so an t-àm gun teagamh, gu bitheadh iasgairean seolta 'us cruadalach nan roinnean a tha ri taobh na fairge ann an Canada 'faotuinn 'us a sealbhachadh gach iasgaich a tha anns a' bhaigh agus a bhuineas do Chanada 's d'a seolaidearan, 'us d'a h-iasgairean fein. Is ann gu carach, mi-onorach, mosach, a tha luchd-riaghlaidh nan Stàitean a' buntainn ris gach iasgach a tha eadar iad fein agus Canada. Tha iad a' cumail a mach gur e cuan duinte <eng>(mare clausum)<gai> a tha ann an Caolas Bhehring: agus air an aobhar sin, gur ann acasan a mhain a tha coir air gach ron anns an fhairge fharsuing ud. Cha 'n eil iad idir toileach air ceartas a dheanamh ri Canada aig am bheil coir co maith air na roin a tha 's a chaolas ud. Is e am beachd gu buin an caolas doibh fein gu buileach. Tha iarrtas laidir aca air an taobh so de America, bhi 'g iasgach anns na h-uisgeachan 'us anns na lochan a bhuineas gu sonruichte do Chanada. An ni 's leatsa, 's leamsa; mar an ceudna, 's an ni 's leamsa 's leam fein e. Is e so 'n riaghailt-stiuraidh a bu mhaith leis na Stàitean a nochdadh dhuinn, anns gach cuan, 'us fairge, 'us loch, 'us bagh, 'us camus, a tha againn ann am farsuingeachd oirdheirc ar dùthcha.

CONA.

RAIBEART III.

Bha trioblaidean gu leòir, araon 'na theaghlach agus 'na rioghachd, aig Raibeart III. ré a rioghachaidh. Bha e còrr 'us 50 bliadhna 'n uair a chrùnadh e. Cha robh e féin freagarrach air son seasamh air cheann airm. Bha ceum bacaich ann, o bhreab a thug each dha 'na òige, ann an spleadh-chòmhrag. Agus mar a bha e socair, neo-bhuairesach 'na nàdur, cha robh e air son a ghabhail ach co beag 's a b' urrainn e de dhragh ri ghnòthuichibh follaiseach na rioghachd. Bha fear de 'bhràithribh a bha comharraichte geur, dàna, agus teom' air son ghnòthuichean a ghabhail os làimh. Rinn e Diùc Albani do 'n fhear sin, agus dh' earb e ris, cha mhòr, riaghladh na rioghachd gu h-iomlan. Rinne e mar an ceudna Diùc Bhòid de 'mhac bu shine féin, agus oighre 'chrùin. Bu le teaghlach nan Stiùbhartach féin eilean Bhòid uile; 's bha mòran fearainn eile ac' an ceann deas Alba, gu h-àraidh 'an Siorrachd Reinfriu. Cha robh Diùc riamh an Alba roimh 'n dithis so. Cha robh tiodal ann a b' àirde na Iarla. Bha bràthair eil' aig an rìgh a bha 'na thriath air Baideanach agus aig an robh riaghladh air taobh 's ear Alba sios gu Gall-thaobh. Bha 'm fear so a' deanamh uiread de chall air feadh na dùthcha mu'n cuairt, 's gu 'n tug iad Sionnach Bhàideanach mar fhrith-ainm dha. Thug an

“Sionnach” tàmhadh air fearann an easbuig Mhuirich gus a chuid féin a dheanamh dheth. Chuir an t-easbuig binn iomsgaraidh 'an céill an aghaidh an t-Sionnaich air son e bhi 'gleidheadh sealbh air an fhearann. 'Chur a bhinn sin an Sionnach gus an ro thuilleadh buaireis. Dh'fhalbh e le àireamh luchd-leanmhuinn agus loisg e baile Forres, pàirt de'n eaglais, agus tigh còmhnuidh an àrd-dheacoin. Goirid an déigh sin loisg e bail'Elgin leis na bha timchioll air de eaglaisean 'us tighean luchd-dreuchd na h-eaglais. Chuireadh an lagh sìobhalt as a dhéigh an sin, 's thugadh e gu ni-eigin de aideachadh ùmhlachd. Thainig e gu eaglais ann am Peirt a dheanamh ùmhlachd, far an do choinnich an rìgh, agus mòran de na h-àrd uaislean ris, agus ghabh iad ris air chumha gu 'n tugadh e làn-riarachadh do 'n easbuig Mhuireach, agus gu'm faigheadh e maitheanas o'n Phàpa.

Bha mac diolain aig a' Phearsa rioghail so, ris an abradh iad Donnachadh Stiubhart, a bha co dona ri 'athair. Cha bhiodh ann de eachdraidh an fhiùdhalaich so ach ath-aithris air na chaidh innseadh de dhroch ghnìomharaibh 'athar féin. Ach cba b' e mhàin gu'm feudtadh a ràdh mu chàirdean an rìgh gu'n robh iad mar mic Sheruah, ro chruaidh air a shon, ach bha 'chuid mhòr de na cinn-fheadhna Ghàelach mar sin mar an ceudna. Agus tha cuid ag radh gu'n robh Diùc Albani a' comhairleachadh do'n rìgh, a bhi toirt cead doibh cur as da chéile, gus am biodh e ni b' fhusadh dha féin a rìs treubh sam bith dhiubh a dh' éireadh 'an ceannairc a cheannsachadh. Tha caochladh nithe aig luchd-eachdraidh ga 'n innseadh a tha coslach ri bhi toirt gnùis do'n bheachd so. Tha ni-eigin cosmhuil ri so anns a' chòmhrag a leigeadh air aghart 'am fianuis an rìgh 's na ban-rìgh, us mòran uaislean eile 's a' bhliadhna 1396. Bha clann Chatain, agus clann Dhaibhidh, no clann Chai, a' creachadh 's a' marbhadh a chéile, gun tàmh, ré dheich bliadhna roimhe sud. Agus 'n uair nach gabhadh iad comhairle gu sgur de'n droch obair sin, fhuair iad cead o 'n rìgh a' chòmhstri a réiteachadh le deich fir fhichead air gach taobh a dhol a chòmhrag ri chéile le claidheamh mòr, 's tuagh-chatha, agus gu'm biodh urram 'us toiseach aig an taobh a choisneadh air an taobh eil' an déigh sin. B' ann do 'n aon treubh a bhuineadh an dà mheòir so, Clann Chatain 's Clann Chai, 's be aobhar na còmhstri, co dhiubh a b'urramaich' agus aig am biodh an toiseach ri àm cogaidh. 'N uair a ràinig iad an làthrach a bh' air ullachadh roimh laimh, bha fear de Chlann Chatain air e féin thoirt as gu h-

[TD 123]

[Vol. 6. No. 16. p. 3]

uaigneach, mar gu 'm biodh e coma air son a chuid a bhi aige de ghlòir a' chatha. Cha leigeadh Ceannard Chlann Chai aon duine air falbh gus an àireamh a dheanamh co ionann. Ach thairg fear a mhuinntir a' bhaile, ris an abrar Eanruic Uind, e féin do Mhac Phearsoin, Ceannard Chloinn Chatain, air leth-chrun gus an cath a chur air Clann Chai. Chaidh sin a ghealltuinn da, 's thòisich an còmhrag gu geur, guineach. 'N uair a mharbh am fear-tuarasdail so aon duine sguir e; dh' éigh an Ceannard ris ciod a b' aobhar dha sud, an robh eagal air. Thuirt esan nach robh, ach gun d'rinn e

seirbhis gu leòir air son leth-chrun. Dh' éigh Mac-Phearsoin, "Am fear nach cum cunntas air a ghnìomharaibh euchdail, pàighear e gun chunntas a chumail ris." Chuir iad so anns an rann, "Am fear nach cunntadh rium cha chunntainn ris."

Thòisich an gille-tuarasdail air obair a mharbhaidh a rìs. 'S ann deis an taobh air an robh esan a chaidh. Mharbhadh naoi fir fhichead de Chloinn Chai; theich am fear mu dheireadh a bha beò. Mharbhadh naoi fir dheug air an taobh eile. Bha na mhair beò dhiubh air an gearradh 's air an lotadh gu h-uamhasach, ach Eanruic na aonar. Bha esan gu maith air armachadh, 's bha e ro làidir; bu cheird da bhi deanamh dhiollaidean stàillinn 's theireadh na Gàeil, an Gobha Crom ris. Thug MacPhearsoin an deadh phàigheadh dha.

An ùine ghoirid an déigh so, bha caonnag fhuilteach eadar Callum Beag MacLeòid, uachdaran Leòdhais, agus buidheann de na Cataich, 's de Chlann Aoidh, Shrath-nàbhair. Bha Aonghas Mac Aoidh, uachdaran Shrath-nàbhair, air pòsadh piuthar do MhacLeòid. Bhàsaich esan 's dh' fhag e dithis mac, Aonghas Dubh, 'us Ruairidh Gallda. Rinneadh Uisdean Dubh, bràthair athar do 'n chloinn so 'na oid-iunnsaich orra an déigh bais an 'athar, 's bha e aig an àm cheudna 'na stiubhart air an cuid fearainn. Chuala MacLeòid gu'n robh Uisdean Dubh a cumail droch ceann ris a' bhantraich, a phiuthar. Dh'fhalbh e le ceathairn mhaith Leodhasach còmhladh ris a shealltuinn air a phiuthair air los ceartas fhaicinn aic' a dheòin no 'dh'aindeoin. 'S e 's coslaiche nach tàinig MacLeòid 's Uisdean Dubh MacAoidh gu còrdadh idir. Co dhiù, dhealaich MacLeòid ris 'am feirg mhòir, 's thoisich e air losgadh 'us fàsachadh pairt de Shrath-nàbhair, 's thog e mòran creiche, crodh us caoraich, leis an d'fhalbh e gus an aiseag gu ruig Leòdhas. Ach chuir Clann MacAoidh a dh' iarraidh cuideachadh o 'n Iarla Chatach, ris an robh iad 'an sìth 's an àm sin mar nach b' àbhaist. Chuir an t-Iarla Alastair Muireach na Cùbin le dream de dhaoine tapaidh a chòmhnadh muinntir an t-Srath. Chaidh na Caoidhich 's na Cataich le chéil' air tòir MhicLeòid, 's rug iad air aig Tuitean Turbhigh, anns a' chrìch eadar Cataobh 'us Ros. Thòisich iad an toiseach air an spréidh a thoirt o chéile, mar bhitheas buachaillean a' deanamh air a' phunntair. Agus 'n uair nach robh na Leòdhasaich a cur rompa speir de 'n chreich a leigeadh as, bhuaill iad air a chath, a bha mar tha Sìr Raibeart Gordon ag ràdh, fada guineach fuilteach, teagmhach. Ach 's ann air MacLeòid a chaidh. Mharbhadh e féin 's na h-uile duin' a bha còmhladh ris, ach aon fhear a thàinig dhachaidh 's a bhàsaich leis na lotaibh a fhuair e. Fhuair a bheag no mhòr de mhuinntir an t-Srath air ais beò leis an spréidh.

Ach cha robh trioblaidean air bith 's an rioghachd co cianail riu sud a bha 'n teaghlach an rìgh féin. Cha robh clach gu'n tionndadh aig Diùc Albani a dh'fheuchainn am faigheadh e 'n rioghachd gu h-iomlan da féin 's da theaghlach. Agus mar sin, dh' fheumadh a mic an rìgh a chur as a' rathad. Bha Diùc Bhòid, oighre dligheach a' chrùin, 'na dhuin' eutrom, car ceannasach agus beothail 'na spiorad. Bha Albani 'deanamh na b'urrainn e gu droch inntinn a thogail eadar am mac sin agus 'athair. Ach smuainich an rìgh 's a' bhan-rìgh na 'm pòsadh an Diùc òg gu 'n tigeadh e gu bhi ni bu shuidhichte. Cha b'

urrainn Albani cur an aghaidh so, ach a mhàin gu'm b'e féin a dh' fheumadh còrdadh a dheanamh air son a' phòsaidh. Agus b' e 'n rian a ghabh e nach feudadh am prionns' a phòsadh ach nighean a' Mhorair is mò bheireadh seachad de airgiod aig àm a' phòsaidh. B' e Iarla Mharch is mo 'thairg de airgiod 'an toiseach, agus rinneadh réiteach eadar a nighean-san agus an Diùc; ach an déigh sin thairg an t-Iarla Dùghlasach barrachd, agus thug iad air a' phrionns' òg gealltuinn a' bhan Dùghlasach a phòsadh. B'i piuthar an rìgh màthair a' chinn-feadhna so; agus bha e nis air son a nighean a phòsadh ri oighre na rìgh-chaitreach. Ann an droch uair chaidh am pòsadh a dheanamh. Ach bha 'm prionns' an déigh sin mar a bha e roimhe. Thug Albani an sin a chreidsinn air an rìgh gu'm b' fheaird am prionnsa beagan cìosnachaidh a dheanamh air le 'chur 'am prìosun greiseag bheag. Dh' aontaich an rìgh bochd gu h-eagalach, 's gu teagmhach ri so, leis gach droch thuaileas eile bha 'bhràthair ag innseadh dha. Fhuair Albani cead-rìgh, no barantas, air son am prionns' a chur an làimh. Chaidh an t-òganach a chur an làimh, 's gun an-amharus sam bith aige c'ar son. Rinneadh prìosunach dheth 'an Caisteal Falcland, a bu le Albani. An ceann chùig là deug fhuaradh a chorp an sin air a leigeadh bàs do'n ghort. Ghiùlaineadh an corp air falbh, 's dh' adhlaiseadh e gu folchuidh 'am Monasteri Liondores, 's fhuair na mortairean iomradh air a sgoileadh aig an àm, gur h-ann le tinneas cuim a bhàsaich e.

Goirid roimhe sud bha Eideard III. Shasuinn air bàsachadh; agus mar a bha 'mhac, am Prionnsa Dubh, air bàsachadh roimhe féin, thàinig 'ogha, Richard II., thun na caitreach; agus e aon bliadhna deug a dh' aois. Ach an déigh do'n rìgh dhligheach so a bhi trì bliadhna fichead a' rioghachadh, dh' éirich Diùc Lancastair, oighre bhràthar 'athar 'an ceannairc 'na aghaidh, agus fhuair e aonta na Pàrlamaid gus a chur dheth 'n chaithir. Chuireadh Richard an sin 'am prìosun far an do mhortadh e gu h-uaigneach goirid an déigh sin, agus ghabh Diùc Lancastair crùn Shasuinn da féin fo ainm, Eanruic IV. Thachair so 's a' bhliadhna 1399, agus le sin thòisich an cogadh fuilteach, maireannach ud eadar teaghlach Lancasteir agus teaghlach Iorc, ris an abrar cogadh nan Ròsan, a tha co ainmeil 'n eachdraidh Shasuinn.

Ach gu pilltinn ri rìgh bochd Alba. Tha e coslach gur h-ann a' chuid 's a' chuid a thuig Raibeart III. gur bàs ainneartach a fhuair a mhac. Ach ged a bhiodh e air a làn thuigsinn o'n thoiseach, bha fios aige gu'n robh a bhrathair 's a luchd-cuideachaidh ro chruaidh air a shon, 's nach deanadh e ach an gnothuch ni bu mheasa dha féin le oidhirpeachadh air a thoirt gu ceartas. Bha e aithnichte gu leòir dha nis gur h-e bha 's an amharc aig Albani an crùn fhaotainn da féin 's da theaghlach. Bha aon mhac eil' aig an rìgh air an robh Seumas, an ceud fhear de na Seumasan. 'S e smuainich e féin 's a' bhan-rìgh air an òganach a chur air falbh gu cuirt rìgh na Frainge, far am faigheadh e iunnsachadh iomchuidh do'n inbh' àird 's an robh e, agus 'am biodh e tearuint' o ais-innleachdaibh bhràthar-athar. Rinn iad ullachadh air son a chur air falbh co cabhagach, 's co uaigneach 's a ghabhadh deanamh; ach mu'n d' fhuair an soitheach a bha gus am prionns' a ghiùlan fo sheòl 's fo astar, thuig Albani an rud a bh' ann, 's gu'n robh 'n t-eun air lunn a bhi gu sgiobalt' a mach as a lìon féin. Ach an aon ni a ghabhadh deanamh a nis rinn se

e gu cabhagach; ghrad chuir e teachdaire 'thoirt sanas do rìgh Shasuinn. 'N uair a ràinig an soitheach 's an robh am prionns' oirthir Norfoc, bha càbhlach beag Sasunnach a' feitheamh oirre. Ghlac iad i, 's thugadh Seumas òg 'am fianuis Eanruic IV. Thog Iarla Annain, ris an robh am prionns' an earbsa, <eng>Protest<gai> 'an aghaidh so mar ni mi cheart, a chionn gu'm b' àm sìth a bh'ann, 's gu'r h-ann air gnothuch sìochail a bha iad. Ach fhreagair Eanruic, o'n a thachair an ni nach bu chòir a bhràthair air caithir Alba bhi air a mhealladh. Ma bha e 'g iarraidh na cainnt Fhrangaich a theagasg da mhac, gu'n robh eòlas maith aigesan air a' chainnt sin, 's gu'n tugadh e leasan Frangach dha co maith ri fear sam bith eil', agus nach b'urrainn an t-òganach tuiteam 'an làmhaibh a b' fhearr. Ged a thuir Eanruic so uil' an rathad sgeigeil, thachair e'n riaghladh an fhreasdail gu'n d'fhuair Seumas iunnsachadh de na h-uile seòrsa, co maith aig cùirt Seasuinn 's a gheibheadh e's an Fhraing, no ni b'fhearr: Cha leigeadh Eanruic á sud e. 'N uair a chuala rìgh Alba gu'n robh 'aon mhac 'na phriosunach an Sasunn, 's a dh'aithnich e gu'n robh so, mar gach olc eil', air a thoirt

(Air a leantuinn air taobh 126.)

[TD 124]

[Vol. 6. No. 16. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, OCTOBER 15, 1897.

Litir a Gleann-Garraidh.

AN LAGGAN, ONTARIO, an 7mh la de mhios deireannach an fhoghair,
1897.

A CHARAID:—Gheibh thu anns an litir so dollar air a chuir ga tionnsuidh le do charaid dileas, Iain Moireastan, faisg air taigh-litrichean Dhunbheagan, an Gleann-a-Garraidh, air son bliadhna eile dhe 'n MHAC-TALLA. 'S nan robh a h-uile neach Gailig an Canada co-ionann inntinn ris, bhiodh cùisean na b' fhearr aig a MHAC-TALLA an deigh so.

Tha tuathanich na coimhearsnachd so air faotuinn gabhail sàbhailte aig an cuid barra uile a nise, agus tha am bàrr uile thar a chéile gle mhath; ge do tha roinn dhe na bhuntàta a' grodadh aig cuid, cha 'n eil aig cuid eile cho fad so co dhiubh e. Tha an aimsir bòidheach, tioram bho chionn chuig seachduinean air ais. Tha faighneachd agus prisean beagan na's fhearr air a h-uile ni a tha aig tuathanaich ri dealachadh ris, gu h-àraidh air son each. Tha duine àraidh tapaidh 'sa choimhearsnachd so, Iain Mac Eòbhainn, a bha thall an Sasunn bho chionn a ghoirid 'sa chòrd ri comunn àraidh ann a sin gu moran each a cheannach ann a so air son an cur dha 'n ionnsuidhsan do Shasunn.

Nan tachaicheach dhomh dol air chuairt do <eng>Nova Scotia<gai> bhithin an duil càirdean domh a tha ann an Ceap Breatunn, an Antigonish, agus an Eilean a Phrionnsa fhaicinn. Agus gun teagamh sam bith, cha rachinn seachad ortsa na 's mò gun taoghal agad. A nise bithidh mi a stad aig an am so s'a gabhail slan leat. Ma thoileacheas thu féin, faodaidh tu an litir so a chuir s'a MHAC-TALLA mar a dean i coire dha do d' phaipeir. Do charaid,

AONGHAS MAC ILLE-MHAOIL,

Bocs 19, Tigh Litrichean an Laggain.

O chionn àireamh bhliadhnaichean air ais bha cuideachd air a chur ri chéile air son rathad-iaruinn a thogail ris a chladach eadar <eng>Port Hawkesbury<gai> agus Cheticamp, astar cheud mìle, ann an siorrachd Inbhirnis, ach an deigh moran bruidhne chaidh an gnothuch bàs. Thatar ag radh a nise gu bheil cuideachd ùr air còir na seana chuideachd a cheannach, agus gu bheil iad a' dol a thòiseachadh na h-obrach gun dail. Bha coinneamh aig Comhairle na siorrachd air an t-seachdain s'a chaidh, agus dh' aontaich iad ceud mìle dolair a thoirt mar chuideachadh do'n chuideachd ùr. Tha làn dhùil gun teid an rathad a nise dheanamh gun an còrr maille, agus nach fhada gus an cluinnear sitir an eich-iaruinn ann am fìor cheann a tuath na siorrachd.

Tha cuid de luchd-gabhail a phaipeir so a tha dha no trì no ceithir a bhliadhnaichean air deireadh 'na phàigheadh. Cha n eil toil againn cur cruaidh ri neach sam bith ma's urrainn dhuinn a sheachnadh, ach tha sinn a' smaoinneachadh ma 'se dàil a bha dhith orra sud gu bheil iad air dàil gu leòr fhaotainn, agus uime sin tha sinn a' toirt rabhaidh dhaibh gu feum na th' aca ri phàigheadh a bhi stigh romh thoiseach Desember. An deigh sin cha bhi am MAC-TALLA air a chur gu neach sam bith nach eil 'ga phàigheadh gu riaghailteach.

Tha <eng>Barbara C. Leitch<gai> á <eng>Binkham, Ontario,<gai> ag iarraidh oirnn a h-ainm a chur anns a MHAC-TALLA an Gàilig. Feumaidh sinn iarraidh air neach eigin d' ar luchd-leughaidh sin a dheanamh air ar son, oir cha'n urrainn duinn féin a dheanamh. Tha <eng>Miss Leitch<gai> ag radh nach b' urrainn dhi facal Gàilig a leughadh mu'n àm so an uiridh, ach an diugh leughaidh i MAC-TALLA gun stri sam bith, agus tha i 'cur roimpe tòiseachadh ri Gàilig a sgrìobhadh. Tha sinn an dòchas gu soirbhich gu math leatha.

Bha brocair Gàidhealach uair ag innse mu na thachair dha fad nan deich bliadhna fichead a bha e ris an obair. Bu mhinisteir fear dhiubh-san a bha 'san eisdeachd, agus thuirt esan ris a bhrocair gu 'n saoiladh e-fhéin gu'm biodh na sionnaich uile air am marbhadh aige roimhe so. "Seadh, seadh," ars am brocair, "'nam biodh sibh féin air an droch-fhear a mharbhadh roimhe so, cha bhiodh an còir feum oirbh-se."

An deigh cuairt a chur air Ceap Breatunn, tha an t-Ard-Riaghladair 'sa Bhain-tighearna air a dhol gu Eilean a' Phrionnsa. Bha side mhath ann a chuid bu mhò dhe'n ùine bha iad air an eilein so, agus rinneadh an di-beathachadh gu math anns gach àite 'n robh iad. Bha iad gle riarachta leis an fhàilte chridheil chàirdeil a chuireadh orra le muinntir Cheap Breatunn.

Cha eil a bheag sam bith ri chluinntinn á Cuba aig an àm so. Faodar a radh gu bheil an cogadh air sgur. Tha an Spàinn a nise 'tairgse féin-riaghladh do 'n eilean, ach 'se 's dòcha nach gabh na Cubanaich ni sam bith ach an t-eilean a bhi air a sgaradh o'n Spàinn gu buileach. Tha iad air son a bhi cuibhteas i gu buileach.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàilllearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann
an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil, Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 125]

[Vol. 6. No. 16. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Fhuair eadh poit-dhubh ann an <eng>Glace Bay<gai> seachdain roimh 'n Di-màirt s'a chaidh, agus chaidh a cur as an rathad air an dòigh àbhaisteach.

Tha na h-ùbhlán a's fhearr a creic ann an Gleann Annapolis bho dha dholair gu da dholair us cairteal. Thatar ag radh gu bheil a' chuid a's motha dhiubh a' dol do na Stàitean.

Tha Riaghladh Mhanitoba a' dol a chur oilthigh air chois ann am baile <eng>Winnipeg<gai> an ùine gun bhi fada, agus tha iad a' gealltuinn tuarasdail triùir de na luchd-teagaisg a phàigheadh.

Chaochail fear Alastair Mac Ghuaire ann am Bath, an stàit Maine, a sheachdain gus an Di-luain s'a chaidh. Bhuineadh e do Cheap Breatunn, agus bha e fuireach ann am Bath o chionn fichead bliadhna.

Chaidh duine a mharbhadh air a rathad-iaruinn aig <eng>Athol, N. S.,<gai> a sheachdain gus an Di-màirt s'a chaidh. Cha 'n eil fhios co e, ach thatar a deanamh a mach gu 'm bu sheoladair e a bha goid a thuruis air aon de na carbadan.

Chaidh fear Basil Richaur, a mhuinntir a Bhras d' Oir, a mharbhadh le sgiorradh air bòrd soithich a bha 'gabhail luchd plasteir ann am <eng>Port Bevis<gai> air an t-seachdain s'a chaidh. Chaidh a chorp a thoirt dhachaidh gu bhi air a thiodhlacadh Diordaoin.

Tha fiosan a thainig á Bagh St. Lawrence ag innse nach robh soirbheachadh sam bith le iasgairean an runnaich air an fhoghar so. Tha an t-side doirbh, 's an t-iasg gann, agus tha na daoine a' call am misnich, agus cha bhi fada gus an till iad dhachaidh.

Tha aig Lyman Dartt, an gille chaidh a chur an greim air àmhrus gu robh e coireach ri bàs an Armenianaich a fhuair eadh marbh faisg air Truro, ri cùirt a sheasamh. Thatar a' deanamh a mach nach robh toil sam bith aig a' ghille tigh'nn ri beatha 'n duine, ach gu 'n do loisg e air a phoca a bha aige air a mhuin, agus nach d' rinn e cuimse cheart mu 'n do loisg e. Ach cha d' fhuair iad an gille thoirt gu aideachadh gu robh lamh sam bith aige anns a ghnìomh.

'Nuair a bha Morair agus Bain-tighearna Obaraidhean a dol gu Sidni Tuath Dior-daoin s'a chaidh, thaghail am bàta air an robh iad aig an <eng>International Pier,<gai> agus an sin chuireadh fàilt orra leis an luchd-obrach. Bha a h-uile duine 'na aodach obrach, aodainn 's a làmhan dubh leis a ghual, agus bha <eng>band<gai> ciùil aca 's gach duine na bu duibhe na chompanach air an dòigh cheudna. 'Se 's dòcha nach d' fhuair an t-Ard-Riaghladair a leithid a dh' fhàilte chur air o'n thainig e do Chanada.

Tha crìoch air a chur air an rathad-iaruinn a bhatar a deanamh ann an <eng>Newfoundland<gai> eadar baile <eng>St. John's<gai> agus <eng>Port aux Basque<gai> air a chladach an iar. Tha an rathad a' dol troimh mheadhon na dùthcha, far bheil beairteas mor de chopar,

de dh' iarunn, 's de mhiotailtean eile. Tha e mu choig ceud mìle dh' fhad agus cha 'n fhada gus am bi e air fhosgladh. Tha an soitheach a tha gu bhì 'ruith eadar <eng>Port aux Basque<gai> agus Sidni air an t-slighe nall á Alba, agus mu 'n teid moran ùine seachad, chì sinn i.

Tha eagal oirnn gu bheil Sidni Tuath a fàs gu bhì 'na bhaile mìrianail. Oidhche Di-sathairne s'a chaidh bha sianar air an cur d' an phrìosan air son a bhì ri troimhe-cheile, triùir dhiubh sin cearta còmhla. Tha tuilleadh s'a chòir de dheoch-làidir 'ga chreic air feadh a bhaile, mar a tha ann an iomadh àite bharrachd air, agus fhad 'sa bhithas, bidh àireamh dhaoin' ann nach gabh cumail air dòigh an ionad sam bith ach anns a' phrìosan fhéin. Tha muinntir Shidni Tuath a toirt ionnsuidh air cur as do chreic an stuth-làidir, agus tha sinn an dòchas gu 'n soirbhich leotha.

Chaill àireamh theaghlachan an dachaidhean leis na teinntean a bha ann am Manitoba o chionn ghoirid. Thatar ag radh cuideachd, gu robh àireamh dhaoine air an losgadh gu bàs.

Bha an t-Urr. D. B. Mac Leoid, ministear <eng>Orwell, E. P. I.,<gai> air chuairt ghoirid a' coimhead a chàirdean ann an <eng>Glace Bay.<gai> Shearmonaich e anns an àite sin la na Sàbaid s'a chaidh.

Ghoid fear Alastair Laing fichead dolair air fear I. Smith ann a Halifacs aig àm na féille. Chaidh a chur an sàs air a shon, agus fhuair e ciontach e, agus thugadh trì bliadhna dhe 'n tigh-obrach dha.

Bha còrr us trì fichead mìle aig an <eng>Exhibition<gai> ann a Halifacs; no phàigh an àireamh sin air son faotainn a stigh ann. Cha robh <eng>exhibition<gai> anns a' bhaile riamh roimhe cho math ris, no aig an robh na h-ùiread sluaigh.

Tha an grodadh gu math dona anns a bhuntàta air an eilean so; mur bitheadh sin bha e air a bhì anabarrach math air an fhoghar so. Thatar ag radh nach robh am buntàta riamh cho math ann an Eilean a' Phrionnsa 'sa tha e am bliadhna.

Fhuair e mèinn ghuail faisg air <eng>St. Peter's<gai> o chionn ghoirid. Ma dh' obraichear gach mèinn ghuail, us òir, us airgeid, us eile fhuair e air an eilean air an t-samhradh so, tha eagal oirnn nach bi duin' anns an dùthaich a fhritheileas do 'n tuathanachas.

Bhrist teine mach anns a phrìosan ann an Toronto, o chionn beagan us seachdain air ais, agus mu 'n d' fhuair e casg a chur air bha call ceud gu leth mìle dolair air a dheanamh. Bha na prìosanaich air an cumail fo ghlais fad na h-ùine gus an cumail o bhì ri tuaireap.

Fhuair Fionnladh Mac Leoid, a muinntir a Phlaisteir, an siorrachd <eng>Victoria,<gai> droch ghoirteachadh Di-haoine s'a chaidh. Bha e dol gu <eng>Baddeck<gai> a dh' fhaicinn muinntir a bhaile sin a' cur failte air an Ard-Riaghladair, agus air an rathad chaidh a thilgeadh as a charbad. Chaidh a thoirt gu tigh a mhic, Iain P. Mac Leoid, am

<eng>Baddeck,<gai> agus tha da dhotair a' frithealadh dha, ach a thaobh gur a seann duine e, bheir e àireamh sheachdainean mu 'm bi e cho math 'sa bha e roimhe.

Iadsan a Phaigh.

Bean Alastair Mhic Rath, Sidni.

Alasdair Mac Amhlaidh, <eng>Milton.<gai>

An t-Urr. Niall <eng>Currie, Loch Ainslie.<gai>

Mrs. Anna Mhathanach, <eng>Valley Mills.<gai>

\$1.50

Ruairidh Mac Coinnich, Loch Bhlackett.

Domhnall Mac Neill, Gleann Ainslie.

Domhnall Màrtuinn, <eng>Orangedale.<gai>

\$2 00

Ruairidh Mac Philip. Rudha 'n Rothaich.

Iain Ceamp, <eng>Leitche's Creek.<gai>

Ruairidh H. Mac Coinnich, <eng>Forks<gai> Shidni.

50c

Mrs. Seonaid Chaimbeul, <eng>Vancouver, B. C.<gai>

Ian G. Mac Leoid, na h-Eileanan Coille, E. P. I.

\$3.00

Iain Moireastan, Dunbheagain, Ont.

<eng>Barbara C, Leitch, Binkham, Ont.<gai>

50c

Iain R, <eng>Boyd, Lakevale, N, S.<gai>

\$1.75

Murchadh Mac Laomuinn, <eng>Quincey, Mass.<gai>

Calum Mac Mhannain, <eng>Kaurihohori, New Zealand.<gai>

BREITH.

Aig Crionach Ard, Gartmòr, Albainn, air an 27mh la dhe 'n mhios Sultuine, (meadhon an Fhogharaidh), bean Eoghainn Dhomhnallaich-nighean.

BAIS.

Aig Port Hastings, an 30mh la de <eng>September<gai>, Isabel, bean Sheorais Bhàillidh, 67 bliadhna, dh' aois, a fagail fear-pòsda, ceathrar mhac, agus aon nighean.

Aig <eng>Wreck's Cove, St. Ann's,<gai> an 21mh la de September, Domhnall Moireastan, eildear, 52 bliadhna dh' aois.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.

Sinclair .35
Orain Iain Luim

.30
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, -- C. B.

BADDECK, -- C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

IUBILI!
THIG AGUS FAIC!
Ceannachd ur us Prìsean ura.
A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.
Niall Domhnullach.
Ceann an Iar a Bhaile.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>
A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 126]

[Vol. 6. No. 16. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 123.)

mu'n cuairt tre chuilbheartachd a bhràthar féin, bhris a chridhe, 's cha do thog e ceann riamh tuilleadh. Bhàsaich e air an ath bhliadhna, 1406.

TAINISTEARACHD ALBA.

Fhuair Albani a nis an ni gus an robh e 'g iarraidh o cheann fada, rioghachd Alba dha féin, cha b' ann gus a riaghladh, ach a h-an-riaghladh. Fhad 's bu bheò mac a bhràthar aig cùirt rìgh Shasuinn, cha bu dàna leis tàmhadh a thoirt air a' chrùn. Ach bha e 'na rìgh, co cinnteach ri Eanruic IV. fein, 's na h-uile seadh ach an t-ainm. Fhuair Albani, agus Eanruic IV. an cumhachd tre na h-aon mheadhonaibh—le ainneart a chleachdadh a thaobh an dlù-chàirdean a bha seasamh 'na 'n rathad. 'S maith a thuigeadh an dithis a bha 'n sud a chéile. Bha fios aig Eanruic nach robh ni air domhan bu lugh' air Albani na gu'n leigtheadh dhachaidh air Seumas òg Stiùbhart. Agus uime sin bha e ga chumail mar bhòcan os a cheann gu eagal a chumail air ach am biodh e 'na choimhearsnach sìochail. Agus bha buaidh an eagail ud, an caochladh dhòighibh, ri fhaicinn air Albani. Ma b' fheudar dha air uairibh a bhi, air sgàth coslais a' cumail suas còmhstri ri Sasunn air son ni-eigin de thoileachadh a thoirt do na Morairibh Albannach, bha e ri fhaicinn aig gach àm dhiubh sin gu'n robh e ga chleachdadh féin air a leithid de dhòigh 's nach faigheadh Sasunn ach co beag calla 's a b' urrainn e obhriseadh a steach nan Albannach. Ach bha moran troimh' chéil' 'an Alba féin fhad 's bu bheò Albani. Bha so ag éiridh o'n aon aobhar ris gach ceannairc bheag eil' a thachair ri linn an dithis rìghrean a chaidh roimhe; b'e sin, nach robh moran eagail air na tighearnan cumhachdach rompa, no moran urraim doibh. Bha ni bu ro lugh' urraim aca do Albani. Agus tha ri chur as a leth gu 'n robh e leigeadh cus de'n toil féin leis na daoineibh sin, ged a bha e, gu coitchionn, a' cumail ceartais a measg dhaoine bochda. Ach 's e ni bu ro chomharraichte 's bu challail' a thachair ré a thàinistearachd, a' cheannairc fhuilteach a rinn Tighearna nan Eilean 's a' bhliadhna 1411, agus air son an robh 'n urra mhor sin a' smuaineachadh gu 'n robh deadh aobhar aige. Fhuair aon de Iarlachan Rois bàs gun fhàgail ach aon nighean a bha pòsda ri Sìr Ualter Lesli. Bha dithis chloinn' aig Sìr Ualter—Alastair, a thàinig an déigh sin gu bhi na Iarla Rois, agus Mairireat a phòs Tighearna nan Eilean. Phòs Alastair, Iarla Rois, nighean do Dhiùc Albani; agus cha robh duine cloinn' aigesan ach aon nighean—Euphemia, ban-Iarla Rois. Ach chaidh a bhan-tighearna sin 'na b-òige steach do chomunn nan Cailleachan-dubha, 's dh' fhàg i Iarlachd Rois aig brathair a mathar, Iarla Bhuchain. Cha 'n eil teagamh nach robh Morair nan eilean a' faicinn làmh Albani anns gach car dhiubh sud. Ach co-dhiu chuir am Morair a steach air son Iarlachd Rois fhaotainn da mhnaoi féin, mar an t-oighre dligheach, 's a' tagairt nach robh còir sam bith aig Iarla Bhuchain air ni a bhuineadh do theaghlach a mhnà-san, 's nach robh coir aig an òig-mhnaoi a leig dhith an saoghal, air an oighreachd mhoir ud a thoirt seachad do neach nach buineadh do 'n teaghlach idir. Ach cha 'n éisdeadh Albani ri cùis-thagairt fhir nan eilean. Bha e air son an da Iarlachd, le 'n tiotalaibh, a bhi aig a mhac féin. Thog an t-eileanach an sin suas bratach na Ceannairc. Chaidh e 'n comh-bhoinn ri Sasunn as an robh e gu càbhlach fhaotainn bu chumhachdaiche na càbhlach Alba. Agus thog e deich mìle saighdear, a chuir e fo lan armachd le bogha 's dòrlach, a reir nòis nan eilean, agus leis an do

ghabh e sealbh air Iarlachd Rois dha féin, a' cur air theiceadh nan uil' a bha seasamh roimhe. A thuilleadh air feadhainn eil' a sheas roimh 'n Mhorair, thug Aonghas Dubh MacAoidh, le àireamh de luchd-leanmhuinn deannal maith air; ach ghlacadh Aonghas féin 'na phriosunach, 's mharbhadh moran de 'luchd-leanmhuinn a measg an robh a bhràthair. Ghabh Morair Dòmhuill an sin air aghart thun a mhachair Ghallda, gu Abaraidhean a losgadh, mar bhagair e roimhe sud. Cha robh ni no neach a' coinneachadh ris a b' urrainn bacadh a chur air. Fhuair e leasachadh mòr sluaigh timchioll air Inbhernis. Ach 'n uair a bha e teannadh ris a' bhaile a' bha e gu 'sgrios, thaghadh àireamh maith shaighdearan fo chomannnda Iarla Mhàrr. Bha Probhaist Abaraidhein 'us àireamh maith de mhuintir a' bhaile 's an armailt Ghallda. Choinnich na Gaill 'n na Gàeil a chéil' a tuath air Abaraidhean, aig amhainn Urul, dlùth air baile beag ris an abrar Harlagh. Thug Deasaich 'us Tuathaich na h-aon rioghachd deannal eagalach air a chéil' an sin. Bha na Gàeil moran ni bu lionmhoir', ach bha na Gaill ni b' fhearr air an armachadh. Thuit moran air gach taobh a measg an robh Probhaist Abaraidhein agus moran a mhuintir a' bhaile. Ach ghleidheadh bratach a bhaile, 's thugadh air ais i, reubta agus dearg le fuil. Tha i ri faicinn fathast 'an talla an t-sean bhail' ud. 'N uair a thàinig an oidhche, 's a bha na laoich air an sàrachadh le obair an la, luidh Iarla Mhàrr 's na bha beò dheth na Gaill air an àraich. Cha b' urrainn iad dol ni b' fhaide, bha iad làn lotan 'us chreuchdan. 'N uair a shoilleirich a' mhaduinn an ath là chunncas gu 'n robh na Gàeil air togail air falbh, 's nach robh iad air son tuilleadh còmhraig aig an àm sin. Chuireadh blàr Harlaigh air a 24 là de mhios-meadhonach an t-samhraidh, 1411. 'N uair a chuala Diùc Albani mar bha, thog e féin armailt air cheann an deachaidh e air tòir an eileanaich, gus a thoirt gu géilleadh. Bha neart Mhòrair Dòmhuill air a bhriseadh, 's cha robh e ach a' cumail air falbh mar a b' urrainn e. B' eigin da Iarlachd Rois a' leigeadh seachad, agus aideachadh a bhi 'na iochdaran umhal do chrùn Alba, agus riarachaidhe leis na bh' aige de fhearann, agus braighde-gill a thoirt seachad mar dhearbhadh air a dheadh chaitheamh-beath' an deigh sud. Chaidh cùmhnantan a sheulachadh eadar na pàirtidhibh, a réir a' chòrdaidh so, aig ceann Lochgilp, an Siorrachd Earraghàeil.

A' bhliadhna an déigh blàr Harlaigh, fhuair Alba a ceud Oil-thigh, no Collaist. B'e so Oil-thigh Chill-rìmhinn. 'N uair a thàinig an teachdair, a chuir easbuig Chill-rìmhinn a dh' iarraidh cead a Phàp' air ais as an Ròimh a' giulan làn chead o'n Phàp' air son an oil-thigh a chur suas, bhuaill iad na cluig le aoibhneas 'us aighear. Bu tioram, falamh, crion, am fòghlum a bhatar a' toirt seachad 's an oil-thigh ré iomadh bliadhn' an deigh a chur suas. Ach cha mhaith a bhi deanamh tàir air là nan nithean beaga. Thàinig e 'n déigh sin gu bhi ro fheumail do 'n rioghachd.

Bhàsaich Diùc Albani air an 3 là de dhara mios an fhoghair, 1419, agus bha e air a leantuinn 'san tàinisteireachd le 'mhad, Murchadh, dara Diùc Albani. Bha e so air tighinn gu greis mhaith de aois mu 'n tàinig e dh' ionnsuidh na tàinistearachd, agus bha mhic air fas suas. Bha eachdraidh na rioghachd a' ruith 's a' chlais ghnàthaichte ré na h-ùin' a bha esan air ceann an riaghlaidh. Cha do thachair nithe àraidh sam dith an taobh stigh de chriocean na rioghachd féin.

Ach tha mòr iomradh 'an eachdraidh an ama so air cruadal 'us gaisge cuid de na n-Albannaich an tìribh eile na Roinn-Eòrpa; gu h-àraidh 'an cogaidhibh na Frainge. Ach mar nach buin sin gu h-àraidh do eachdraidh Alba, cha bhi sinn a' leudachadh air. Cha robh Diùc Murchadh aon chuid co maith no co olc ri 'athair. Cha robh e co cuilbheartach no co seasmhach ris. Bha e furasd a mhealladh. Agus a measg cuid eil' a bha deanamh tàir air air son sin, bha mhic féin a' taisbeanadh eas-ùmhachd dha. Agus tha 's an aithris gu'm b'e sin an t-aobhar àraidh a thug air aontachadh ris an oidhirp a thoirt air Seumas, rìgh dligheach na h-Alba, fhaotainn air ais as a' bhraighdeanas. Rinn a mhic cleasachd mhi-mhodhail, thàireil 'na fhianuis, air son an do bhagair e orr', o nach gabhadh iad comhairl' uaithe-san, gu 'n tugadh esan mhaighstir dhachaidh orr', a riaghladh gu maith teann os an ceann uile. Riamh o 'n là sin shocraich e 'chridh' air mac bhràthair athar fhaotainn dachaidh gu caithir a shinnsir. Bha cùirt Shasuinn 's an àm so air tighinn gu bhi ni bu chàirdiche. Bha Eanruic IV. a rinn prìosunach do Sheumas, air bàsachadh 's a' bhliadhna 1413, agus a mhac Eanruic a rioghachadh 'na àite. Bha Seumas air pòsadh nighean Iarla Shomerset a bha 'n dlù-dhàimh do theaghlach rioghail Shasuinn. Agus bha luchd-riaghladh 'na rioghachd sin a' meas gu'm biodh e 'na choimhearsnach maith dhoibh a thaobh e bhi 's an dàimh sin

[TD 127]

[Vol. 6. No. 16. p. 7]

riu. Agus mar sin dh' aidich iad a bhi toileach Seumas a leigeadh dhachaidh gu 'dhùthaich féin, ach a mhàin air a' chumha gu m feumadh Alba bribid beag a phàigheadh air son na chost Sasunn ris ga fhòghlum, 's ga bheathachadh ré ùine co fada. Chuireadh an cunntas so a steach gu Pàrlamaid Alba. Cha robh ann ach dà fhichead mìle Punnd Sasunnach, a bha co maith ri dheich uiread sin de airgiod an là 'n diugh. Chaidh bailtean Dhuneidin, Pheirt, Dhundeagh, agus Abaraidhean 'an urras air gu'm biodh an t-suim so air a paigheadh, 's mar sin phill Seumas gu dùthaich 'us lùchairtean a shinnsir an ceann a naoi bliadhna fichead a dh'aois an déigh a bhi ochd bliadhna deug 'na bhraighdeanach air cùirt Shasuinn.

Mac-Iain 'us na Spainntich.

Nach eagalach am fearg a tha air Mac-Iain, on sgrìobh mise ann an tomhas beag, smior na firinn mu na Spainntich. Cha 'n eil fios agamsa co-dhiu 's e duine mor no beag a tha ann am Mac-Iain. Tha e 'feuchainn ri mise 'chaineadh gu maith 's gu ro-mhaith airson mo bheachdan mu na Spainntich. Mata, mata, nach mise rinn am mearachd uamhasach an uair a bhrosnuich mi corruich Mhic-Iain am aghaidh. An Gaidheal Spainnteach, tha e soilleir gu bheil barrachd speis aige do 'n Spainn no do Bhreatunn, tir nan Gaidheal. Tha e 'g radh gu robh na Spainntich riamh fiughanta 'us foghlumte, 's gu 'n do nochd iad barrachd caoimheis do na h-Innseanaich ann an America na rinn Breatunn no na Stàitean riamh. Nach gleusda 'n laoch Mac-Iain! Nach

e fein a tha min-eolach air eachdraidh an t-saoghail! Nach ann aig na Spainntich a tha 'n caraid gasda ann am Mac-Iain! Cha 'n eil mise 'dol a chaineadh Mhic-Iain, agus cha 'n eil mi 'dol a thabhairt beachd air bith mu sgoilearachd nan easbuig Spainnteach. Tha MAC-TALLA 'na charaid do na Gaidheil uile, do bhrìgh gur Gaidheil iad. Cha 'n abair e focal an aghaidh eaglais air bith; agus mar so, tha e 'dearbhadh gu bheil gliocas maith aige. Cha chàin mise Mac-Iain: ach bheir mi comhairle no dha air. Mur cuala e riamh iomradh air an <eng>Armada,<gai> na deanadh e moille air bith ann an eolas fhaotuinn mu 'n amaideachd uamhasach a nochd na Spainntich le 'n <eng>Armada.<gai> Sgrìobh <eng>Washington Irving<gai> eachdraidh beatha Cholumbuis. Leughadh Mac-Iain an leabhar firinneach so co luath 's is urrainn e, agus gu brath cha bhi 'chridhe aige mise, no duine air bith eile, 'chàineadh airson smior na firinn innseadh mu na Spainntich. Bhris iad cridhe an duine eireachdail, iomraiteach, Columbus, agus rinn iad gach olc 'us eucoir a bha 'n an comas air na h-Innseanaich a fhuair iad ann an America. Nach eil iad feineil? Is e 'n sgeula muladach a tha Irving a' cur an ceill, nach robh e comasach doibh barrachd feinealachd a chuir an gnìomh na rinn iad. Is bochd 'us ro-bhochd an seasamh a tha aca 'nis am measg rioghachdan na Roinn-Eòrpa. An uair a bha iad fo chasan Bhonapairt, agus a chaidh Wellington agus feachd Breatunnach a dheanadh comhnaidh leo, chraidh iad an ceannard ainmeil ud. Bha barrachd dragh aige leis na Spainntich thruagha, na bha aige ann am buaidh fhaotuinn air na Frangaich. O'n tha Mac-Iain co eudmhor as leth nan Spainnteach, ma tha eadhon beagan de chruadal 'us de sgairt nan Gaidheil aige, nach b' fhearr dha dol do Chuba, 's crìoch a chur leis na Spainntich air an aramach a tha 's an eilean ud. Cha'n eil a reir coslais, ach ceannardan bochd aig na Spainntich ann an Cuba. Rachadh Mac-Iain air ceann an fheachd, agus ma gheibh e buaidh, faodaidh e fein a bhi fathast 'na rìgh thar nan Cubanach. Mo bheannachd le Mac-Iain.

CONA.

Sean Fhacail Eirionnach.

Ni treun gu tuitim tuile.
Ni easbha go dith cairde.
Ni ancradh go h-éithioch.
Ni brùite go dul ann aois.
Ni ò 'n gaoth do thoig se e.
Ni maruidhe go fear stiùire.
Ni beatha go dul air neamh.
Ni rogha gu rìgh na cruinne.
Ni bocht gu dul go h-iffrionn.
Ni torann treun go toirneach.
Ni h-ealadha go leightear stair.
Ni h-annfadh go gaoith a ndear.
Ni daor go breith an bheithimh.
Ni h-é la na gaoithe la na sgoib.
Ni séimh neach go m-budh oilte.
Ni daoi go mnaoi droich mheine.

Ni heach go aifrionn Dé éisteacht.
Ni h-olc aon bheart go m-budh feall.
Ni beathuigheann briathra na braithre.
Ni chuimhnigheann an cù ghortach air a coilain.
Ni'l fios aig duine cia is fear-an luas 'na 'n mhoill.
Ni tuigeann an sàthach an seang, an uair do bhidheann a bholg fein
geal.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean.
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.

SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 128]

[Vol. 6. No. 16. p. 8]

Oran Moraig.

LE ALASTAIR MAC MHAIGHSTIR ALASTAIR.

FONN.—
Agus ho, Mhorag,
Na horo 's na hóro gealladh,
Agus ho, Mhorag.

A Mhorag chiatach a' chùil dualaich,
Gur h-e do luaidh a th' air m' aire.

'S ma dh' imich thu nùll thar chuan bhuainn,
Gu ma luath a thig thu thairis.

'S cuimhnich, thoir leat bannal ghruagach
A luaidheas an clòth ruadh gu daingeann.

O! cha leiginn thu do 'n bhualidh
Mu 'n salaich' am buachar d' anart.

'D é! cha leiginn thu gu cualach—
Obair thruaillidh sin nan cailean.

Gur h-i Mórach ghrinn mo ghuamag
Aig am beil an cuailein barrfhionn.

'S gaganach, bachlagach, cuachach,
Ciabhag na gruagaiche glaine.

Do chùl péucach sìos 'n a dhualaibh,
Dhalladh e uaislean le 'lannir.

Sìos 'n a fheòirneinean mu d' ghualnean—
Leadan cuaicheineach na h-ainnir'.

Do chùl péurlach, òrbhuidh, luachach,
Timchioll do chluaise 'n a chlannan.

O Mhórag! gu 'm beil do chuailein
Ormsa 'n a bhuaireadh gun sgainnir.

'S ged nach iarr mi thu ri d' phùsadh,
Gu 'm b' e mo rùn a bhi mar-riut.

'S ma thig thu rithist am lùbaibh,
'S e 'n t-eug, a rùin, nì ar sgaradh.

Leanaidh mi cho dlùth ri d' shàiltean
Agus bàirneach ri sgeir-mhara.

Shiubhail mi cian leat air m' eòlas,
Agus spailp de 'n stròic air m' aineol.-

Gu 'n leanainn thu feadh an t-saoghail,
Ach thus', a ghaoil, theachd am fharraid.

Gu 'n 'chuireadh air mhisg le d' ghaol mi-
'S mear, aotrom a' ghaoir tha'm bhallaibh.

A Mhórag 'g am beil a' ghruaidh chiatach,
'S glan am fiaradh th' ann ad mhalaidh.

Do shùil shuilbhear, shocair, mhòthar,
Mhireagach, chòmhnard, 's i meallach.

Déud-cailce snasta na rìmhinn',
Snaidhte mar dhìsn' air a ghearradh.

Maighdeann bhòidheach nan bas caoine,
'S iad cho maoth ri clòimh na h-eala,

C-chan léuganach nan gucag;
'S fàileadh a' mhusga de h-anail.

'S iomad òigeir a ghabh tlachd dhiot,
Eadar Arcabh agus Monainn.

'S ioma leannan a th' aig Mòraig,
Eadar Mòrthir agus Arrainn.

'S ioma gaisgeach deas de Ghàidheal,
Nach obadh le m' ghràdh-sa tarrainn.

A rachadh le sgiathan 's le clàidhean,
Air bheag sgath gu bial nan canan.

'Chunnartaicheadh dol 'n an òrdugh
Thoirt do chòrach mach a dh-aindeoin.

'S iomad àrmunn làsdail, tréubhach,
An Dùnéideann ann am bharaill.

Na 'm faiceadh iad gnè de ghuais ort,
Dheanadh tarrainn suas ri d' charraid.

Mo chion a dheanadh leat éirigh;
Do chaiptein fhéin Mac-mhic-Ailein.

Gu 'n 'theann e roimhe romh chàch riut,
'S nì e fhà'st e, ach thig thairis.

Gach duine tha 'n Uithist 's am Mùideart,
'S an Arasaig dhubh-ghuirm a' bharraich.

An Canaidh, an Eige, 's am Mòrthir-
Réisimeid chòrr ud Shìol-Ailein.

An àm Alastair 's Mhontròse,
Gu 'm bu bhòcain iad air Ghallaibh,

Gu 'n d' fhairich là Ionbhar-Lòchaidh,
Cò bu stròicich' ann le lannan.

Am Peairt, an Cill-saith, 's an Allt-Eurann,
Dh' fhàg iad Réubalaich gun anam.

Alastair mòr Ghlinne-Comhann,
'S <eng>brigade<gai> coimheach Ghlinne-Gairidh.

Mar sin a's an t-àrmunn Sléiteach,
Ged a tha e fhéin 'n a leanabh.

Dh' éireadh leat a nall bho 'n Ruta,
Antrum lùth-chleasach nan seang-each.

Dhruideadh na Gàidhil gu léir leat,
Ge b' e dh' éireadh leat no dh' fhanadh.

Shuidh deich mìle dhiùbh air cléith dhuibh
An cogadh Rìgh Tèarlach nach maireann.

'S ioma clòth air an d' thug iad caitein,
Eadrr Cataobh agus Anainn.

Bha càch a' diùlt teachd a luadh' dhuibh,
'S chruinnich iadsan sluagh am bannail.

A rìgh, bu mhath 's an luath-làimh iad,
'N uair a thàirneadh iad an lannan.

H-uile clòth a luaidh iad riabh dhuibh,
Dh'fhàg iad e gu ciatach, daingeann;

Teann, tiugh, daingeann, fighte, luaidhte,
Daite ruadh air thuar na fala,-

Greas thairis le d' mhnathan-luadhaidh,
'S théid na gruagaichean so mar-riut.

Agus hó Mhórag, hó-ró,
'S na hóro gheallaidh.

DO BHIADH

Do Neart-Ma bhios e air a dheagh chnàmh.

Mur eil do stamag a deanamh a h-obair, feuch K. D. C. Cha 'n eil duine air am bheil Cion-cnamhaidh a cur dragh nach cuidich e-do nach toir e slàinte agus comhfhurtachd. Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air son a chuim. Leighsidh iad Teanntachd, ma ghabhair iad maille ri K. D. C.

AIR AN SAR MHOLADH.

Sampuill de K. D. C. 's <eng>K. D. C. Pills<gai> a Nasguidh.
<eng>K. D. C. Company, Limited, New Glasgow, N. S. & 127 State St.,
Boston, Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prìsean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.
Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 129]

[Vol. 6. No. 17. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA 'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B. DI-HAOINE, 22 <eng>OCTOBER, 1897. No. 17.<gai>

Litir a Ontario.

Tha an samhradh 's a foghradh air a dhol seachad agus bha side againn ré na buana nach robh againn riamh na b' fhearr. Bha mìos <eng>September<gai> fuathasach tioram blàth agus a chuid a chaidh seachad do <eng>October<gai> gle mhath gus a nis. Ach tha anail na gaoithe tuath ag innseadh cheana gu'm bheil an geamhradh a tighinn, 's nach bi an uine fada gus am bi sneachd againn. Tha gach comharra ri fhaicinn—tha 'n duilleach a tuiteam bhar nan craobh, tha na luibhean gorma air an gearradh sìos leis an reothadh, tha na oidhcheanan air fàs fada, tha 'n latha air dol an giorad agus feumaidh an gealbhan a bhi air a chumail nis fhearr 'san inneal theannaidh na bha e roimhe so; a h-uille ni dhe so a teagasg dhuinn a bhi deiseil air àm a theachd; dh' fhalbh maise agus àilleach an t-samhraidh 's tha stoirm a gheamhraidh a teachd dlùth oirnn.

Cha'n eil fios agam, gu ceart de a sgrìobhas mi air an àm so. Bu mhaith leam nithean blasda do 'n luchd-leughaidh agus cha'n eil sin fuathasach furasda a dheanamh—ma dh' fhaoidte an rud a chòrdas ri aon neach nach cord e ri neach eile, agus gu cinnteach cha'n eil ioghnadh orm dheth. 'Nuair a leughas mi thairis mo sgrìobhadh fein 'sann a thig teum fotham a thilgeadh 'san teine leis cho mi-òrdail 's a bhios e—ach am fear a fhuair an aon tàlant, nan do chuir e am buil i bhunaicheadh e te eile.

Bha an t-Urr. Iain Moireastan againn an so 'san eaglais Chleirich fo cheann da Shàbaid, fear a mhuinntir Cheap Breatunn. Tha e na shearmonaiche math. 'S ann air deuchain a thoirt da air son gairm a tha e an so. 'S ann aige tha 'Ghailig a tha math, agus cha'n eil rud ann a ruigeas cridhe duine cho mor ri cainnt bhriagha, bhlasda a mhathar. Fhritheil an duine còir an Comanachadh air an t-Sàbaid s'a chaidh ann an Gailig, agus bha moran cruinn.

Tha 'm bàrr gle mhaith, ach air a shon sin tha sinn ri gearain, mar thuirt mi roimhe. Thainig an grodadh 'sa bhuntata ach cha'n eil e cho dona 'sa bha sinn a smaointeachadh a bhiodh e. Tha e a reic air son 50c am poca. Tha flùr air fas saor a rithisd—tha so a tighinn a reir rùn cuid agus an aghaidh cuid eile, ach 's math am biadh a bhi

saor.

Chaidh duin' òg a mharbhadh faisg air an àite so an latha roimhe. Bha e a fuasgladh an eich as a bhuggie agus bhuaile e breab air anns a chorp, 's cha robh e beo ach da latha na dhéigh. 'Se Alasdair Stiubhart a b' ainm do'n òganach.

Chunnaic mi caraid dhomh a thainig á <eng>Klondyke<gai> air an t-samhradh so—Niall Mac Artair, mac do Sheumas Mor Mac Artair (piobaire), a dh' fhàg tìr Eargain ann am Muile o cheann faisg air leth-cheud bliadhna. Cha'n eil sgeul fuathasach math aig Niall air <eng>Yukon<gai> no <eng>Klondyke.<gai> Cha'n eil beatha duine 'theid an sud fuathasach tearuinte. Tha fuachd us acras ri fhulang, agus ma gheibh duine òr ann cha'n ann gun deuchainean fhulang. Tha 'n reothadh, tha e 'g ràdh, ceud troigh a dhoimhneachd. 'S e 'n dòigh a tha iad a cladhach, tha iad a dol sìos 'san reothadh da through 's an sin a togail dùn mor do chonnadh 'san toll agus a cur teine ris; tha sin a toirt air falbh an reothaidh troidh no dha eile agus tha na meineadairean a toirt a nios na h-ùrach 's a toirt an òir aise agus mar sin gus an teid iad fodha doimhneachd mhòr. Cha toireadh Niall comhairle air duine falbh ann aig am bheil tigh'nn-beo sam bith san àite so. Rinn e fhéin moran beartais ann, ach cha'n fhaigh duine am mach gu de 's fhiach e.

'S mor an cunnart 's an cuir daoine iad fein airson an òir, agus 's mor an gaol tha aig cuid air an òr 's air an airgid. Tha cuid ann do dhaoine agus tha iad cosmhuil ris a bhoirionnach a bha 'san t-seann dùthaich. Bha moran airgid agus òir aice; dh' fhàs i tinn aon latha agus shaoil i gu'n robh i dol a bhàsachadh agus bha i fo throm iomagain gu de a dheanadh i ri a cuid airgid. Bu mhaith leatha a thoirt leatha an taobh a rachadh i fhéin agus bha eagal oirre nach cuireadh a mhuinntir a bhiodh ga cur 'sa chiste an t-airgid còmhla rithe. Thuirt a bhean a bha frithealadh dhi gu'n d' fhuair ise seòl a mach air son i bhi cinnteach gu'm biodh a cuid airgid air a chur leatha. Thuirt a bhean bhoichd i 'ga innse dhi gu luath. Ni mi sin, ars a bhan-altrum; innis thusa dhomh cait am bheil do chuid òir agus airgid. Tha e ann am poit fo'n talamh ann an ceann shios an tighe, ars a bhean. Fhuair a bhan-altrum an t-òr agus thuirt i ris a bhean a bha tinn gu'n leaghadh i air bainne e agus gu'm feumadh i òl, agus gu'm biodh i an sin dearbh chinnteach gun robh e leatha. Ach an àite an òir a leaghadh 's ann a leagh a bhan-altrum cnap mor de ìm agus dh' òl a bhean bhoichd e an ait an òir. Cha d' fhuair i bàs idir, agus bha i 'n sin gu tùrsach gu'n d' òl i an t-òr. Ach ghleidh a bhan-altrum an t-òr dhi féin, agus a bhean bheairteach dh' fhàs i boichd agus an te bha boichd dh' fhàs i beairteach.

Tha eagal orm gu'n d' thuirt mi tuilleadh 'sa chòir de ghòraiche.

IAIN MAC ILLEASBUIG.

<eng>Priceville, Oct.<gai> 10, 1897.

Posadh Furasda.

Tha 'n sgeul a leanas air innse mu phòsadh càraid a bha fuireach a mach air an dùthaich ann an stàit <eng>New Hampshire<gai> o chionn leth-cheud bliadhn' air ais. Bha muilleann-sàbhaidh aig a' mhinistear, agus bha e 'cosg roinn mhor de 'n t-seachdain ag obair innte. Bha e 'na sheasamh an dorus na muillne aon mhaduinn briagha foghair, 'nuair a chunnaic e each a tigh'nn a nuas an rathad-mor, a bha dol seachad gle fhaisg air a' mhuilinn. Air muin an eich bha duin' òg a mhuinntir a choithionail aige, agus nighean òg bhòidheach a bhuineadh do aon de na bailtean a b' fhaisge. Sheall am ministear orra gu caoimhneil car mionard, agus an sin thuirt e riutha, "Tha mi cinnteach gu bheil sibh air son pòsadh," "Tha," ars an duin' òg, 's e 'fàs dearg leis an nàire. "Am bheil thu 'gabhail na mnatha so mar do bhean-phòsda? Cha leig sibh a leas tigh'nn bhar an eich," ars am ministear. "Tha," ars an duin' òg. "Agus am bheil thusa 'gabhail an duine so mar d' fhear-posda?" ars am ministear. "Tha," ars a' chaileag. "Ma tha, tha sibh pòsda, 's bithibh a' gabhail air adhart dhachaidh," ars am ministear, 's chaidh e air ais gu 'chuid sàbhaidh.

Tha boirionnach d' an ainm Mòr Russel a' fuireach faisg air Belleville, an Ontario, a tha ceud bliadhna 'sa tri a dh' aois. Rugadh i ann an siorrachd Ghlinn-garaidh, agus tha piuthar dhi an sin a tha ceud bliadhna dh' aois. Bha a h-athair ceithir fichead bliadhna 'sa sia deug 'nuair a chaochail e, agus bha a màthair ceud 'sa ceithir deug. Tha e coltach gu bheil an t-seann aois a ruith 'san fhuil aca.

Tha e air a mheas gu 'n gabh e da acair air fhichead de fhearainn gus aon duine a chumail suas air feòil. Bheir an tomhas ceudna de dh' fhearann seachad de chrithneachd na chumadh da fhichead duine 'sa dha, de chorca na chumadh ceithir fichead 'sa h-ochd, agus de bhuntàta, de chorn 's de rice, na chumadh biadh ri ochd fichead 'sa sia deug.

[TD 130]

[Vol. 6. No. 17. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UAISLE.

CAIB. XVI.

B' e miann is iarrtus laidir mo chridhe am bas fhaotainn anns an am. Ach mar is trice, cha'n faigh daoine an ni a's miannach leotha. An uair a thug mi fa near nach deanadh gul is caoidh feum sam bith dhomh fhein, no dhasan a bha sinte marbh air mo bheulaobh, agus a smaoinich mi gu'm faodadh 'athair tighinn gun dail sam bith, agus mo ghlacadh 's mo chur gu bas, thuirt mi rium fhein gu'm b'fhearr dhomh mo chasan a thoirt as, agus mi fhein 'fhalach an aite eigin anns an

eilean. Ghrad dhirich mi suas an staidhre, agus an uair a leig mi a' chlach air an dorus, agus a chuir mi an talamh air a muin mar a bha e roimhe, thug mi m' aghaidh air a' choille.

Faisge air aite anns an robh an taigh-fo-thalamh bha craobh mhor air an robh duilleach tiugh. Dhirich mi suas do'n chraoibh so, agus suil gu 'n d' thug mi air a' chuan chnnaic mi an long a' seoladh o thir-mor a dh'ionnsuidh an eilein. Thuirt mi rium fhein, "Ma chi an seann duine mi, is docha gu'n toir e air na seirbhisich mo ghrad mharbhadh an uair a chi e gu'm bheil a mhac marbh. A 'dh' aindeoin na their mi ris gus mo leithsgeul a ghabhail, cha chreid e mi. Is fhearr dhomh mi fhein a chumail am falach cho math 's a theid agam air." Air dhomh so a radh, dhirich mi na b' airde anns' chraoibh.

An uine ghoirid na dheigh sin thainig an long gu aite acaire, agus thainig an seann duine agus na seirbhisich gu tir. Bha coltas air an t-seann duine a bhith ann an dochas math gu'm faigheadh e a mhac beo an uair a ruigeadh e an taigh-fo-thalamh. Ach an uair a rainig iad far an robh e, agus a chunnaic iad gu'n robh an talamh air ur-chladhach, ghabh iad mi-mhisneach mhor. Thog iad a' chlach, agus chaidh iad sios; agus an uair a ghairm an seann duine air an duine og air 'ainm agus nach d' thug e freagradh dhaibh, thuit an cridhe buileach glan. Chaidh iad do'n t-seomar anns an robh e, agus fhuair iad fuar, marbh e, agus an sgian 'na chridhe. An uair a chunnaic iad mar a bha leig iad uile an aon ghlaodh cianail asda, agus ann an tiotadh thuit an seann duine ann an neul. Thug na seirbhisich am mach as an taigh-fo-thalamh e feuch an duisgeadh e as an neul an uair a gheibheadh e an t-aile, agus leig iad 'na shineadh e aig bonn na craoibh anns an robh mise. Ach a dh' aindeoin gach doigh a dh' fheuch iad ri' thoirt as an neul, bha e uine mhath ann mu 'n do dhuig e. Is ann a bha eagal orra nach duisgeadh e gu brath.

An uair a dhuisg an seann duine as an neul, chaidh na seirbhisich sios do'n taigh-fo-thalamh, agus thug iad a nuas corp a mhic. Chladhaich iad uaigh, agus chuir iad an corp innte. Le cuideachadh dithis dhe na seirbhisich bha 'n seann duine comasach air seasamh ag bruaich na h-uaghach fhad 's a bha e 'cur a' cheud lan no dha spaide de'n uir air corp a mhic. 'N a dheigh sin lion na seirbhisich an uaigh.

An sin thug iad leotha an t-innsreadh agus gach ni eile a bh' anns an taigh-fo-thalamh do'n luing. Bha 'n seann duine cho fann le bron 's le bristeadh cridhe 's nach robh e 'n comas dha ceum coiseachd a dheanamh. Thog na seirbhich leotha air mhaidean e do 'n luing, agus gun dail sam bith sheol iad gu tir-mor.

An uair a chaidh an long as mo shealladh, thainig mi 'nuas as a' chraoibh. Chaidil mi anns an taigh-fo-thalamh an oidhche sin. An la-iar-na-mhaireach dh' fhalbh mi air feadh an eilean, agus an uair a thainig an oidhche chuir mi seachad i anns an aite a b' fhasgaiche a thachair rium.

Bha mi fad mhios a' falbh air feadh an eilein air an doigh so. Latha dhe na laithean thug mi an aire gu'n robh am muir air traghadh

anabarrach mor, agus nach robh ach astar beag ri shnamh gus am faighinn gu cladach tir-mor. An deigh dhomh snamh tarsuinn air a' mhuir, bha astar math agam ri choisichd air feadh na bha de lathaich ann an iochdar a' chladaich. Bha mi gle sgith mu 'n d' rainig mi talamh tioram. Shuidh mi greis a leigeadh m' analach. 'N a dheigh sin an uair a choisich mi astar math air m' aghaidh troimh duthaich, chunnaic mi, ar leam, meall mor teine astar math uam. Thug an sealladh so toileachadh mor dhomh: oir bha fhios agam gu'm biodh daoine faisge air far am biodh teine. Ach an uair a chaidh mi gu math na bu dluithe dha, chunnaic mi nach e teine a bh' ann ach caisteal copair a bha anabarrach mor, maiseach; agus an uair a bhiodh a' ghrian a' dearrsadh air, shaoileadh duine a bhiodh fada uaithe gur e meall mor teine a bh'ann.

An uair a rainig mi faisge air a' chaisteal so, shuidh mi car uine a leigeadh m' analach, agus a ghabhail beachd air; oir cha'n fhaca mi aitreabh riamh cho briagha ris. Cha robh mi fada 'nam shuidhe an uair a chunnaic mi deichnear dhaoine oga cho deas, dealbhach, dreachar 's a chunnaic mi riamh a' tighinn an rathad a bha mi. Ach ghabh mi iognadh mor an uair a thug mi 'n aire gu'n robh an t-suil dheas air a cur as gach fear dhiubh. Bha seann duine ard, liath, a bha gle thlachdmhor 'na choltas, a' coiseachd maille riutha.

Cha b' urrainn domh gun iognadh a ghabhail an uair a chunnaic mi uiread so de dhaoine comhladh air leith shuil, agus an aon t-suil a dhith orra gu leir. Am feadh 's a bha mi 'dol fo m' smaointean cia mar a thachair dhaibh a bhith ann an cuideachd a cheile, thainig iad far an robh mi 'nam shuidhe, agus, a reir choltais, bha iad gle thoilichte m' fhaicinn. An deigh dhaibh failte a chur orm dh'fheoraich iad dhìom cìod e a chuir an sid mi. Thuirt mi riutha gu'n tugadh e uine fhada dhìom fios an aobhair innseadh; ach nam b'e an toil suidhe laimh rium, gu'n innsinn mo naigheachd dhaibh o thoiseach gu deireadh. Shuidh iad ri m' thaobh, agus dh' innis mi dhaibh a h-uile ni a thachair dhomh o'n latha 'dh' fhalbh mi as mo rioghachd fhein. An uair a chual' iad mu gach ni a dh'eirich dhomh ghabh iad iognadh mor.

An uair a chuir mi crìoch air mo naigheachd, dh' iarr na daoine oga orm a dhol do 'n chaisteal maille riutha. Ghabh mi an tairgse gu toileach, agus an uair a chaidh sinn a steach 's a choisich sinn troimh mhoran sheomraichean, rainig sinn seomar mor, farsuinn, anns an robh deich langsaidean, air am biodh an deichnear dhaoine oga nan suidhe air an latha, agus 'nan cadal air an oidhche. Bha na langsaidean so mor-thimchioll an t-seomar, agus bha 'n langsaid air am biodh an seann duine 'na shuidhe 's 'na chadal, ann am meadhain an t-seomair. Ach o nach toilleadh air aon seach aon de na langsaidean ach aon duine, thuirt fear de na daoine oga rium, "A chompanaich, suidh thusa air an lar-bhrat ann am meadhain an t-seomair, agus na cuir ceisd mu thimchioll ni sam bith a buineas dhuinne, agus na fheoraich c'ar son a tha 'n t-suil dheas g' ar dith 'nar deichnear; gabh beachd air na chi thu, ach na farraid mu dheidhinn ni sam bith.

An uair a bha sinn greis 'nar suidhe dh' eirich an seann duine bhar

na langsaid, agus chaidh e am mach as an t-seomar. An uine gun bhith fada thill e steach. Thug e an sin a steach an t-suipear, agus thug e a chuid fhein do gach fear air leith. Thug e dhomhsa mo shuipear mar an ceudna, agus ghabh mi i air leith leam fhein mar a rinn cach. An uair a ghabh sinn ar suipear thug e cupan fiona do gach aon dhinn.

Chuir an naigheachd a dh'innis mi dhaibh mu gach mi-fhortan a thachair dhomh a leithid a dh' ioghnadh orra 's gu'n do ghuidh iad orm a h-innseach dhaibh a rithist. Dh' innis mi dhaibh i o thoiseach gu deireadh, agus bha cuid mhor dhe'n oidhche air a dhol seachad mu 'n do chuir mi crìoch oirre.

Thuirt fear dhe na daoine oga gu'n robh moran de 'n oidhche air a dhol seachad, agus mu'n rachadh iad a laidhe gu'm feumadh iad an dleasdanas a dheanamh mar a b' abhaist dhaibh. A n uair a' chual' an seann duine so dh' eirich e agus chaidh e steach do sheomar beag a bha faisg air, agus thug e 'mach as deich miosan anns an robh luath is smurguail is dath dubh air am measgadh feadh a cheile. Thug e mios an t-aon do gach fear de'n deichnear dhaoine oga. Shuath iad an stuth so ri 'n aghaidhean, agus chuireadh an dreach a bh' orra eagal air dearg mheirleach. Thoisich iad ri gul 's ri bualadh an cinn 's an uchd, agus ri radh, "So an toradh a th' againn air son cho diomhain 's cho mi-bheusach 's a chaith sinn ar beatha 's an am a dh' fhalbh."

Lean iad air an obair so gus an robh e dluth air a' mhadainn. An uair a sguir iad, thug an seann duine a steach uisge. Nigh

[TD 131]

[Vol. 6. No. 17. p. 3]

iad an lamhan 's an aghaidhean, agus chuir iad umpa aodach glan.

Chuir an obair a bh' aca ioghnadh mor orm. Bha fìor thoil agam bruidhinn riutha a chum gu'm feoraichinn dhiubh cìod bu chiall do'n obair a bh' aca; ach bha eagal orm mo bheul 'fhosgladh o'n a chuireadh gasaidean cruaidh orm gun aon fhacal a radh mu thimchioll ni sam bith a chithinn no 'chluinninn. Chuir na chunnaic 's na chuala mi a leithid a dh' ioghnadh orm 's nach d' thainig norradh air mo shuil fad na h-oidhche.

An la-iar-na-mhaireach cha bu luaithe a dh' eirich sinn na ghabh sinn ceum am mach o 'n chaisteal. Thuirt mi riutha, "A dhaoine uaisle, ged a thuirt sibh rium nach robh mi ri ceisd a chur oirbh mu thimchioll ni sam bith a chithinn no chluinninn, cha 'n 'eil e an comas dhomh fuireach samhach na 's fhaide. Tha lan fhios agam gur daoine turail, tuigseach sibh. Ach chunnaic mi sibh a' deanamh nithean nach deanadh daoine glìce sam bith gun aobhar sonraichte, agus bu mhath leam fios an aobhair a chluinntain. C'ar son, ma ta, a dhubh sibh bhur n-aghaidhean an raoir? C'ar son a tha gach fear dhibh air leith shuil? Tha aobhar sonraichte air a shon so, agus bu

mhath leam fios an aobhair 'fhaotainn am mach."

Thuirt iad rium nach robh gnothach sam bich agam a bhith feorach ceisdean de'n t-seorsa dhiubh, agus gu'm b'e 'n gnothach bu ghlice dhomh mo bheul a chumail samhach. An uair a chuala mi so dh' fhan mi samhach.

Chuir sinn seachad an latha gu caoimhneil, cairdeil a' chomhradh mu chaochladh nithean. Ach an uair thainig an oidhche 's a ghabh sinn ar suipear, thug an seann duine a steach na miosan, agus dhubh gach fear dhiubh 'aodann, agus rinn iad gul is caoidh mar a rinn iad an oidhche roimhe sin, agus ghlaodh iad, "Is e so an toradh a th' againn air son cho diomhain agus cho mi-bheusach 's a chaith sinn ar beatha 's an am a dh' fhalbh." Rinn iad a' cheart ni an treas oidhche.

Mu dheireadh, cha robh e 'n comas dhomh fuireach samhach, agus ghuidh mi orra gu durachdach gu 'n innseadh iad dhomh c'ar son a bha iad ris an obair ud a h-uile oidhche, air neo iad a dh' innseadh dhomh cia mar a gheibhinn air ais do m' rioghachd fhein. Thuirt mi riutha mar an ceudna gu'n robh e neo-chomasach dhomh fuireach na b' fhaide comhladh riutha mur iunseadh iad dhomh aobhar na h-obrach a bh' aca a h-uile oidhche.

Phreagair fear dhiubh, agus thuirt e, "Na biodh ioghnadh sam bith ort ged nach d' thug sinn dhuit am fiosrachadh a bha thu ag iarraidh. Is ann air son do mhath fhein a tha sinne a' fuireach samhach, 'Nan innseamaid dhuit gach ni mur deidhinn, bhiodh tu anns an aon suidheachadh ruinn fhein."

Thuirt mi ris gu'n robh mi suidhichte air fios an aobhair fhaotainn am mach ciod sam bith na dh' fhuilinginn air a shon.

"Is e mo chomhairle dhut," ars' esan, "gun an corr cheisdean a chur oirnn, air neo ma chuireas, caillidh tu do shuil dheas air a shaillibh."

"Tha mi cearta coma," arsa mise, "tha mi 'g innseadh dhut nach cuir mi coire sam bith ortsa, ged a thachradh dhomh mar a tha thu 'g radh."

CAIB. XVII.

Thuirt e rium mar an ceudna, nach ruiginn a leas dochas sam bith a bhith agam gu'm faighinn cead fuireach comhladh riutha anns a' chaisteal, ged a bhiodh toil agam, do bhrigh nach robh aite ann air son duine tuilleadh.

Thuirt mi riutha gu'm biodh e 'na thoil-inntinn gle mhor dhomh cead 'fhaotainn fuireach maille riutha; agus ciod sam bith mi-fhortan a dh' fhuilinginn air a' shaillibh, gu 'n robh mi 'guidhe orra am fiosrachadh a bha dhith orm a thoirt dhomh gun dail.

An uair a chunnaic iad nach robh mi deonach an comhairle a ghabhail, fhuair iad caora, agus mharbh iad i. An uair a thug iad dhith an craicionn, thug iad dhomh sgian, agus thuirt iad rium gu 'm biodh i feumail dhomh an uine gun bhith fada.

"Feumaidh sinn innseadh dhut," ars' iadsan, "gu 'm bheil sinn a' dol 'g ad fhuaghal anns a' chraicionn so, agus an uair a dh' fhagas sinn air cnoc thu, thig eun anabarrach mor ris an canar an roc, agus togaidh e air falbh leis thu 'na chruidhean, an duil gur e caora a bhios aige. Ach na biodh eagal sam bith ort; leigidh e as thu air mullach beinne. An uair a leigeas e as air an talamh thu, gearraidh tu an craicionn leis an sgidhinn, agus tilgidh tu dhiot e. Cho luath 's a chi an roc thu, teichidh e air falbh leis an eagal, agus faodaidh tu do rathad a ghabhail. Ach na stad gus an ruig thu caisteal anabarrach mor, maiseach, a th' air a thogail de chlachan luachmhor, agus air a chomhdachadh le or fiorghlan. Tha 'n geata fosgailte aig gach am, agus cha 'n eil agad ach gabhail a steach air. Bha sinne sinn-fhein anns a' chaisteal cho fad 's a bha sinn an so; ach cha 'n innis sinn dhut ni sam bith mu thimchioll ciod a chunnaic no 'chuala sinn, no ciod a thachair dhuinn an uair a bha sinn ann. Gheibh thu fios air thu-fhein; ach faodaidh sinn a radh gur ann air saillibh a dhol ann a chaill gach fear dhuinn a shuil dheas, agus am peanas a chunnaic tu sinn a' deanamh a h-uile oidhche, feumaidh sinn a dheanamh a chionn gu 'n robh sinn anns a' chaisteal. Tha eachdraidh gach aon dhinn cho lan de dhrìod-fhortan iongantach 's gu 'n lionadh iad leabhar mor. Cha 'n fhaod sinn an corr innseadh dhut."

An uair a chuir am fear a bha 'labhairt crìoch air na bh' aige ri radh rium, dh' fhuair iad ann an craicionn na caorach mi, agus an sgian 'nam laimh. Chuir iad air cnoc mi, agus thill iad do 'n chaisteal.

Cha robh mi fada air a' chnoc an uair a thainig an roc mar a thubhairt iad, agus thog e leis mi 'na chruidhean mar gu 'm biodh caora aige, agus thug e gu mullach beinne mi. Cho luath 's a leig e as mi ghearr mi an craicionn leis an sgidhinn, agus thilg mi uam e. An uair a chunnaic an roc mi, theich e air falbh cho luath 's a bh' aige. Is e eun geal, anabarrach mor, a th' anns an roc, agus tha e cho laidir 's gu'n tugadh e elafant leis gu mullach beinne gus a h-itheadh.

Gun dail sam bith choisich mi air falbh feuch an tachradh an caisteal orm. Leis cho cabhagach 's a choisich mi, rainig mi e ann an leith latha; agus feumaidh mi 'radh gu'n robh e moran ni bu bhriagha na dh' innis iad dhomh. Fhuair mi an geata fosgailte, agus an uair a chaidh mi steach, thainig mi gu cuirt cheithir chearnach a bh' ann an teis-meadhain a' chaisteil. Sheas mi tiotadh, agus sheall mi mor-thimchioll orm, agus thug mi 'n aire gu 'n robh coig fichead dorus air a' chuirt. Bha ceithir fiichead 'sa naoi deug dhiubh air an deanamh dhe na h-uile seorsa fiodha a b' fharr agus bu mhaisiche na cheile, agus bha 'n dorus eile air a dheanamh de dh' or fiorghlan. Ghabh mi steach air an dorus a b' fhaisge dhomh, agus an uair a chaidh mi beagan air m' aghaidh thainig mi gu seomar mor,

farsuinn, lan innsridh cho maiseach 's cho luachmhor 's a chunnaic duine riamh. Anns an t-seomar so bha da fhichead bean-uasal 'nan suidhe, agus bha iad gu leir 'nam boirionnaich oga cho briagha 's a chunnaic suil duine riamh; agus bha iad uile air an eideadh ann an trusgain cho riomhach 'sa b' urrainn boirionnach a chur uimpe.

Cho luath 's a chunnaic iad mi dh' eirich iad uile 'nan seasamh, agus ghabh iad far an robh mi gu failte a chur orm. Thuirt iad a beul a cheile "Uasail urramaich, is e do bheatha."

An sin labhair te dhiubh rium ann an ainm chaich, agus thuirt i, "Tha uine fhada o'n a bha sinn an dochas gu 'n tigeadh do leithid de dhuin' uasal an rathad so. Tha choltas ort gur duine thu a tha anns gach doigh freagarrach air son cuideachd a chumail ruinn, agus tha sinn an dochas gu 'm bi ar comunn-ne taitneach gu leor dhutsa."

Thug iad orm suidhe anns a' chathair a b' fhearr a bh' anns an t-seomar. Ach an uair a leig mi ris dhaibh nach robh mi 'meas gu 'm b' airidh mi air a' leithid so a dh' urram 'fhaotainn uatha, thuirt iad, "Sin agad d' aite; aig an am is tu ar tighearna, ar maighstir, agus ar breitheamh, agus tha sinn uile gu bhith umhail dhut anns gach ni a chuireas tu mu 'r coinneamh."

Chuir an caoimhneas a bha iad a' nochdadh dhomh, agus an toil a bh' aca bhith 'deanamh gach frithealadh dhomh, ioghnadh anabarrach mor orm. Thoisich te dhiubh ri nigheadh mo chas ann an uisge blath;

(Air a leantuinn air taobh 134.)

[TD 132]

[Vol. 6. No. 17. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,

<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher 'Mac-Talla,'

Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, <eng>OCTOBER 22, 1897.<gai>

Bha teine mor ann a' Windsor la na Sàbaid s'a chaidh, a loisg cha mhor am baile gu h-iomlan, a' fàgail mu dha mhile 's coig ceud sluaigh gun dachaidh. Thòisich an teine mu thri uairean 'sa mhaduinn ann am bothan sabhail anns an robh àireamh de dhaolne daoraich a' cur seachad na h-oidhche. Bha dùil an toiseach gu 'n gabhadh an teine cur as, ach mu cheithir uairean dh' eirich an soirbheas, agus an sin sgaoil an teine cho luath 's nach robh doigh air a chasg. Bha an sluagh uile air an dùsgadh, agus thòisich iad air na b' urrainn daibh a dheanamh gus an cuid a shabhaladh, ach 'se gle bheag dhe sin a rinneadh. Bha chuid bu mhotha dhe na thugadh as na taighean air a losgadh air na sràidean, agus b' fheudar do 'n t sluagh gach ni fhàgail agus teicheadh le 'm beatha. Mu naodh uairean 'sa mhaduinn cha robh ach mu 'n ochdamh cuid dhe 'n bhaile air fhàgail, agus mur b'e gu 'n d' thainig cuideachadh á Halifacs bha sin fhéin air falbh. Cha 'n eil a nis an lathair de 'n bhaile ach aon eaglais (an eaglais Shasunnach), aon tigh-òsda, an colaiste, muilleann, agus mu choig air fhichead de thaighean-còmhnuidh. Bha làrach a bhaile na shealladh uamhasach. Bha 'n t-astar air 'n dò ruith an teine mu mhile dh' fhad 's mu leth-mhile leud, agus bha sin uile lan de làraichean ceòthach. Chaidh cuideachadh a ehur dh' ionnsuidh a bhaile cho luath 'sa ghabhadh deanamh, agus chaidh an sluagh a chur fo fhasgadh ann am bùithean. Bhatar an dùil fad dha no tri lathaichean nach do chailleadh beatha sam bith anns an teine, ach fhuair eadhon uaithe sin da chorp ann an làrach aon da na taighean. Bu sheana charaid iad d' am b' ainm Kelly, agus tha e coltach gu 'n d' thainig an teine orra cho grad 's nach b' urrainn daibh teicheadh. Bha iad le chéile mu thri fichead bliadhna dh' aois. 'Se so an teine 's motha rinn de chall a bha riamh ann an Nobha Scotia. Thatar a' meas gu robh fiach tri muillein dolair air a losgadh, agus cha robh ach mu leth muillein de dh' airged-urrais air.

Bha an t-Onarach <eng>A. G. Blair,<gai> Ministear nan Rathaidean-Iaruinn 's nan Rathaidean-Uisge, ann an Ceap Breatunn air an t-seachdain so. Ràinig e-fhéin us Priomhair Murray, D. C. Friseal, Cailean Mac Isaic, agus uaislean eile, Sidni Tuath feasgar Di-màirt, agus rinn muinntir a bhaile sin cuirm mhor dhaibh an oidhche sin. Di-ciaduin chaidh iad air adhart gu Louisburg, agus air dhaibh tilleadh beagan an deigh coig uairean feasgar, rinn iad dàil bheag ann an Sidni, agus an sin chaidh iad an iar. Bha dùil aig muinntir Shidni gu 'm biodh e aca ùine na b' fhaide na bha e, agus tha iad gle dhiombach dhe air son cho beag cothrom 'sa thug e dhaibh air an iarratusan a thoirt fa chomhair. Bha e an toiseach ri bhi 'sa bhaile air deich uairean 'sa mhaduinn; 'nuair nach d' thainig e aig an àm sin, bha e gu bhi ann mu dha uair feasgar; cha d' thaing e aig da uair, agus an sin bhiodh e 'sa bhaile air ceithir uairean, ach bha e 'n deigh coig mu 'n d' thainig e. Tha cuid de mhuinntir a' bhaile dhe 'n bharaill gur h ann a bha e 'deanamh falach-fead orra, ach tha sinn an dòchas nach eil sin ceart. Ach tha sinn 'ga mheas mar ni mi-fhortanach nach fhaca Mr. Blair iomchuidh, air a cheud turus do 'n eilean so, barrachd ùine chur seachad anns a' cheanna-bhaile.

Rinn an soitheach-smùide tha gu bhi ruith eadar am port so agus <eng>Newfoundland<gai> a ceud thurus toiseach na seachdain so, agus rainig i Sidni Tuath 'sa mhaduinn Di-màirt. 'Se 's ainm dhi am <eng>"Bruce,"<gai> agus tha i 'na soitheach math agus anabarrach freagarrach air son a chuain troimh am bheil aice ri bhi ruith. Tha i gu bhi ruith eadar Sidni Tuath agus <eng>Placentia<gai> da uair 'san t-seachdain gus am bi crìoch ais a chur air na laimhrigeah ann am <eng>Port au Basque;<gai> an deigh sin bidh i ruith gu <eng>Port au Basque,<gai> agus a deanamh turuis tri uairean 'san t-seachdain. Bha dùil gu'm biodh i tigh'nn gu Sidni, agus dh' fhaoidte gu'm bi, ach air an turus so cha d' rinn i ach tigh'nn a nios an acarsaid a ghabhail seallaidh air a' bhaile, agus, gun a dol gu laimhrig idir, tilleadh air a h-ais.

Bha fear Ferdinand Carriere air a chur an greim ann an Ottawa Di-màirt air son a bhi feitheamh gus ionnsuidh a thoirt air beatha Sir Wilfred Laurier. Bha daga aige, agus bha e 'g radh gu robh e 'dol a thilgeadh a' Phrìomhair a chionn nach d' thug e obair dha. Tha cuid ag radh gu robh an duine air an daoraich, ach co-dhiu bha no nach robh, 's e 'm prìosan an t-àite 's fhearr dha leithid.

Chuir muinntir Halifacs coig mìle dolair cruinn an la roimhe air son cuideachadh le muinntir Windsor. Tha Pictou a cur mìle dolair g' an ionnsuidh, <eng>Moncton, N. B.,<gai> mìle dolair; <eng>St. John, N. B.,<gai> ceithir mìle. Cha'n eil teagamh nach dean bailtean eile an cuid fhèin, agus gu dearbh tha feum air uile.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann
an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair
nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaimeachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhibition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. Mac Fhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitch's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 133]

[Vol. 6. No. 17. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh an stòr aig Tomas Mac Gill-fhaollain, ann an Sidni Tuath, a

bhristeadh oidhche Di-haoine s'a chaidh, agus chaidh airgead agus nithean eile a ghoid aisde.

Tha cuideachd a' ghuail an dràsda 'cur mu dha fhichead mìle tunna de ghual 'san t-seachdain suas Amhuinn <eng>St. Lawrence,<gai> agus leanaidh iad air sin a dheanamh gach seachdain gus an dùin an amhuinn.

Ann am <eng>Preston, N. S.,<gai> sheachdain gus an Di-ciaduin s'a chaidh, chaidh an tigh aig Pàdrug <eng>Downey,<gai> duine dubh, a losgadh, agns bha dithis a bha fuireach ann, Artur agus <eng>Harry Willis,<gai> air an losgadh gu bàs.

Chaidh fear <eng>Alonzo Hawkesworth<gai> a chur an greim ann a' <eng>Wolfville<gai> air an t-seachdain s'a chaidh air son meairle. Bha àireamh stòraichean air am bristeadh ann an ceann an iar na mor-roinne, agus tha àmhrus gu'm b'esan a bha ris an obair.

Tha <eng>Mr. Peters,<gai> Prìomhair Eilean a' Phrionnsa, an deigh an dreuchd sin a leigeadh uaithe, agus tha e-fhéin agus Sir Tearlach <eng>H. Tupper<gai> a' dol gu Columbia Bhreatunnach, far am bheil iad gu bhì 'n cuideachd a cheile mar luchd-lagha. Is <eng>liberal Peters,<gai> agus is <eng>conservative Tupper,<gai> ach a dh' aindeoin sin tha iad a dol a dh' obair cuideachd.

Rinn na teintean a bh' ann an ceannan de dh' Ontario o chionn da sheachdain air ais call mor. Bha aireamh mhor sluaigh air am fàgail gun dachaidh agus chaill cuid dhiubh na bh' aca ris an t-saoghal. Thatar a' cur moran airgeid cruinn air son cuideachadh a dheanamh leotha; thug Morair Obaraidhean seachad da cheud dolair air an son.

Thainig fear Domhnull Mac Philip a mhuinntir a Bhaigh an Iar ri bheatha fhein air an t-seachdain s'a chaidh. Ghearr e a sgòrnan le ràsar. Cha'n eil fhios gu de bha 'cur air a thug air an gnìomh a dheanamh; bha e air a dheagh dhòigh agus cho fad s'a b' fhiosrach na coimhearsnaich, cha robh ni sam bith a cur deagh air. Bha e 'na sheann duine air an robh eòlas farsuinn, agus bha e gle mheasail.

Chaidh fear Uilleam Mac Iamhair a ghoirteachadh anns a' mhèinn an Seana Bhrìdigeport seachdain gus an dé. Chaidh a lamh a bhristeadh agus a cheann a ghearradh 'sa bhruthadh gu dona. Aig a mhèinn cheudna, thuit fear Tomas Mac Fhearghais fo na carbadan guail, agus chaidh iad thairis air 'ga leòn cho dona 's nach robh e beo ach mu ochd uairean. Thachair an da sgiorradh so 'san aon seachdain.

Bha dithis de luchd-reic an stuth làidir air beulaobh fir-ceartais ann an Sidni Tuath air an t-seachdain s'a chaidh, agus fhuair iad ciontach 's chaidh càin leth-cheud dolair am fear a chur orra. Bha duin' aig cùirt ann an Sidni cuideachd, agus chuireadh càin air. Tha e coltach gu bheil muinntir an da bhaile, cho math ri muinntir na Méinne Tuatha 's nam méinnean eile a' cur rompa cur as do reic an stuth làidir ma ghabhas deanamh.

Tha muinntir Halifacs agus bhailtean eile air feadh na dùthcha an

deigh airgead a chur cruinn air son cuideachadh a dheanamh leis na daoine bochda a chaill an taighean 's an cuid ann a <eng>Windsor<gai> Di-dònaich s'a chaidh. Tha baile <eng>New Glasgow<gai> a' toirt mìle dolair dhaibh; tha Toronto a' toirt mìle eile dhaibh; tha aon duine, Uilleam Cunard, a tha thall ann an Sasuinn, a' cur mìle dolair a nall air an son, agus fear eile coig ceud dolair. Cha'n eil teagamh nach bi suinn mhor airgeid air a chur d' an ionnsuidh, na dh' fhoghnas dhaibh gus am faighear am baile thogail.

Chaochail Mabel, nighean do Iain <eng>Cove,<gai> an <eng>Amherst,<gai> gle aithghearr, toiseach na seachdain s'a chaidh. Ghoirtich i i-fhein 's i a' gàireachdaich, 's cha robh i beò ach uine gle ghoirid.

Bha toiseach na seachdain so gle fhuar. Bha stoirm mhor ann latha agus oidhche na Sàbaid. Tha na lathaichean fuara, stoirmeil so ag innse dhuinn nach fhada gus am bi an geamhradh againn.

Bhuail da charbad-smùide 'na cheile faisg air <eng>Ottawa<gai> seachdain gus an dé, agus bha ceathrar dhaoine air am marbhadh; bu thramps dithis dhiubh a bha 'goid an turuis; b'e 'n dithis eile fear-na-h-inneil, agus an cléireach-posta

Tha cuid de na méinnean ag obair gu trang, cho trang 'sa bha iad riamh, ach tha cuid dhiubh anns nach eileas a' deanamh a bheag sam bith de dh' obair. Anns a che'-la-deug a chaidh seachad cha do dh' obraich méinn Ghowrie ach trì latha.

Tha an gual gu math saor ann an Sidni air an fhoghar so, na's saoire na bha e o chionn iomadh bliadhna. Gheibhear an dràsda uiread guail <eng>(slack)<gai> air 40c 'sa gheibhte an uiridh us bliadhnaichean eile air 60c. 'Se 's aobhar dha sin gu bheil barrachd us aon chuideachd a creic guail am bliadhna; mur bitheadh bhiodh e cho daor 'sa bha e roimhe.

'Nuair a bha 'n t-Ard-Riaghladair ann an Sidni bha àireamh thaghte de luchd na bataraidh air an gairm a mach le òrdugh a mhàidsear air son fàilte chur air an uasal mar bu dligheach. Bha seachdnar no ochdnar de na h-òganaich nach d' thainig air lom idir, agus tha iad sin a nise air an cur 'san lagh agus tha aca ri cùirt a sheasamh air an ath mhios.

Tha an t-Urr Andra Mac Gillebhràth, sagart Lios-mhoir, an siorrachd Phicton, an deigh am paraiste sin a leigeil dheth, agus tha an t-Urr. Alasdair Siosal, D. D., sagart Loch Ainslie, a dol 'na àite. Tha mar an ceudna an t-Urr. R. H. Dùghlach, sagart Mhargaree, a' dol do pharaiste Thorburn, an siorrachd Phictou, agus sagart a pharaiste sin, an t-Urr. A. Mombourquette, a dol do Mhargaree.

Bha fear Mac Neill, a mhuinntir na Meinne Tuatha, air an robh àmhrus gu'n do ghoid e sleighe 'sa gheamhradh s'a chaidh, air a ghlacadh o chionn ghoirid, agus tha e nise anns a phrìosan 'sa bhaile so a' feitheamh cùrtach. Dh' fhàg e an dùthaich nuair a bhathas 'ga

iarraidh 'sa gheamhradh, ach thill e o chionn beagan ùine air ais. Bhuineadh an t-sleighe chaidh a ghoid do na Bràithrean Mac Aoidh ann an Sidni.

A reir sgeòil nam paipearan-naigheachd, tha da bhoirionnach fhialuidh ann am Montreal, 'nan robh fhios cò iad. Tha tigh mor anns a bhaile sin ris an abrar Dachaidh nan Gillean, anns am bheil gillean bochda a faotainn am beathachaidh 's am foghlum gu saor. Air an t-seachdain s'a chaidh, thug aon bhoirionnach coig mìle dolair seachad air son cuideachadh le cumail suas an taighe sin, agus thug té eile seachad trì mìle. Cha'n eil té seach té dhiubh air son a h-ainm a dheanamh follaiseach.

POSAIDHEAN.

Ann an <eng>Roxbury, Mass.,<gai> air an treas latha deug de dh' October, leis an Urr. A. D. Mac Fhionghain, B. A., B. D., air a chuideachadh leis an Urr. Aonghas Mac 'Ille-mhaoil, as a Bhàigh 'n Iar, C. B. Domhnull S. Mac Gillean, á <eng>Malagawatch,<gai> C. B., us Mor A. Nic Dhomhnuill, á Amhuinn Dhennis, C. B.

Ann am <eng>Boston, Mass.,<gai> air an treas latha deug de dh' October, leis an Urr. A. D. Mac Fhionghain, B. A., B. D., ministear eaglais <eng>St. Andrew's,<gai> air a chuideachadh leis an Urr. D. Mac Ille-mhaoil, as a' Mhéinn a Tuath, C. B., Donnachadh A. Mac Fhionghain, a Loch Ainslie, C. B., us Mairi Nic Coy, am Boston.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35

Orain Iain Luim

.30

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgrìobh gu

<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, -- C. B.

BADDECK, -- C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

IUBILI!

THIG AGUS FAIC!

Ceannachd ur us Prisean ura.

A h-uile ni cho saor 's nach fhaod mi innse.

Niall Domhnullach.

Ceann an Iar a Bhaile.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

A Ghàilig 'sa Bheurla air an aon phris.

[TD 134]

[Vol. 6. No. 17. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 131.)

bha te eile a' nigheadh mo lamhan ann an uisge fuar; bha 'n treas te a' faighinn aodaich deiseil a chuirinn umam; bha cach a' faighinn a bhidh deiseil, agus a' deanamh gach ni a ghabhadh deanamh a chum a' chuirm a bha gus a bhith againn a chur an ordugh gu math 's gu ro-mhath. An uair a ghabh sinn na thainig ruinn de 'n bhiadh 's de 'n deoch a bha cho pailt air ar beulaobh, shuidh iad mu 'n cuairt orm, agus dh' iarr iad orm mo naigheachd innseadh dhaibh. Dh' innis mi dhaibh m' eachdraidh o thoiseach gu de readh, agus mu 'n do chuir mi crìoch air na bh' agam ri innseadh dhaibh, bha' m feasgar anamoch ann.

An uair a thainig dubhar an fheasgair las iad aireamh mhor de choinnlean ceireach, agus cha mhor nach robh an seomar cho soilleir 's ged a bhiodh a' ghrian na h-airde. Beagan uine 'na dheigh sin fhuair iad an t-suipear deiseil, agus bha gach seorsa bidh is dibhe air am b' urrainn duine smaoineachadh air ar beulaobh air a' bhord. Shuidh sinn aig an t-suipear, agus bha cuid mhath dhe 'n oidhche air a dhol seachad mu 'n d' eirich sinn o'n bhord. An uair a bha 'n t-suipear thairis, thoisich cuid diubh ri cluich air innealan-ciuil dhe gach seorsa, agus thoisich cuid eile ri dannsa. Bha e 'n deigh a mheadhain oidhche mu 'n do chuireadh crìoch air a' cheol 's air an dannsa. Mu dheireadh thuirte iad rium, "Is cinnteach gu' m bheil thu sgith an deis na rinn thu de chois eachd an diugh. Tha 'n t-am agad a

dhol a ghabhail mu thamh. Tha 'n seomar-cadail deas."

Thuirt mi gu 'n robh mi toileach gu leor a dhol a laidhe o'n a bha mi sgith agus air dhroch cadal iomadh oidhche roimhe sin. Thugadh do sheomar anabarrach maiseach mi far an do chaidil mi cho trom ris a' chloich gus an do shoilleirich an latha.

Mu 'n gann a chuir mi umam mo chuid aodaich 's a' mhadainn, thainig na mnathan-uaisle gu leir a steach do 'n t-seomar far an robh mi a chur failte na maidne orm, agus a dh' fheorach cia mar a fhuair mi cadal, agus cia mar a bha mi. Thug iad deise riomhach do m' ionnsuidh, agus an uair a thainig mi as an taigh-fharagaidh chuir mi umam i.

Chaith sinn earrann mhath de 'n latha mu 'n bhord a' gabhail bidh agus dibhe, agus an uair a chuir sinn seachad earrann mhor de 'n oidhche ri ceol 's ri orain 's ris gach toileachas-inntinn eile a bha freagarrach agus iomchuidh air son ar leithidean, ghabh sinn mu thamh. A chum sgeula goirid a dheanamh dheth, chuir sinn bliadhna seachad leis gach sogh is subhachas air an urrainn duine ainm a chur.

An ceann na bliadhna an uair a thainig na mnathan-uaisle steach do 'n t-seomar a chur failte na maidne orm mar bu ghnath leotha 'dheanamh, thug mi an aire gu 'n robh coltais mulaid air gnuis gach te dhiubh, agus chuir so iognadh mor orm; oir bu ghnath leotha a bhith anabarrach cridheil, aoidheil. Rug te an deigh te dhiubh orm na gairdeanan, agus thuirt iad, "Slan leat, a phrionnsa, slan leat! oir feumaidh sinn dealachadh riut." An uair a chunnaic mi iad a' sileadh nan deur, cha b' urrainn domh cumail orm fhein. Dh' fheoraich mi dhiubh c'ar son a bha iad cho tuirseach, agus ciod a b' aobhar gu 'n robh iad a' dol a dhealachadh rium. "An ainm an aigh, innsibh dhomh e, agus ma tha e idir 'nam chomas comhfhurtachd no cuideachadh a thoirt dhuibh, ni mi e," arsa mise.

Ach an aite mo fhreagairt thuirt iad, "B' fhearr nach fhaca sinn riamh thu! Ged a chuir iomadh duine uasal greis dhe 'n uine seachad 'n ar cuideachd, cha 'n fhaca sinn fear eile riamh fhathast a bha cho fior thlachdmhor anns gach doigh 's a bha thusa; agus cha 'n eil fhios againn cia mar a bhios sinn beo as d' aonais."

An uair a thuirt iad so, thoisich iad a rithist ri gul 's ri caoidh.

"A mhnathan-uaisle coire," arsa mise, "na bithibh 'g am chumail an an-fhios na 's fhaide. Innsibh aobhar bhur broin dhomh."

"Ochan!" ars iadsan, "is i an eiginn anns am bheil sinn a chionn a bhith dealachadh riut a tha 'g ar fagail cho bronach. Is docha nach fhaic sinn a cheile gu brath tuilleadh. Ach ma thogras tusa stamhnadh a chur ort fhein, faodaidh e bhith gu' n coinnich sinn a cheile fhathast."

"A mhnathan-uaisle," arsa mise, "cha 'n eil mi 'tuigsinn ciod a tha sibh a' ciallachadh; an ainm an aigh innsibh dhomh gu soilleir mu 'n

chuis.”

(Ri leantuinn.)

Na Spainntich.

“Fuaim mhor a bolg fas.” ’S gailbheach an fhuaim a tha Cona a deanamh anns a’ MHAC-TAHLA! Na’m biodh e ’n Cuba, agus na Spaintich cho truagh ’s a tha e ’g radh, ’s cinnteach gun tugadh a chuid boilich orra teicheadh gun dail. Ach cha toir daoine tuigseach moran aire do leithid so de spagluinn. Cha d’ thuir Mac-Iain gu robh na Spaintich riamh foghlumte, ach thuir e gu robh iad foghlumte, agus mu tha corr dearbhaidh a dhith air neach sam bith leughadh e an <eng>Encyclopedia Britannica<gai> air litreachas na Spainteach agus air an taighean leabhraichean. Leughadh Cona a rithisd eachdraidh beatha <eng>Cholumbus<gai> le <eng>Irving<gai>—leugh Mac-Iain i o chionn fada—agus mur a bheil e gu tur dall chi e nach robh na Spaintich ’s a linn ud idir “gun tuaiream, gun toinise,” Tha <eng>Irving<gai> ag radh gu ’m bu Iseabail Banruinn na Spain aon de na feadhainn a b’ airde cliu ’s bu ghlainne beusan air am bheil iomradh an eachdraidh; ach ’s math le Cona sinn a chreidsinn gun robh an cinnidh ’s an d’ fhuair i ’h-arach ’s a foghlum ’s air an robh i na riaghladair “riamh gun tuaiream gun toinise.” A reir Cona ’s i amaideachd uamhasach a bh’ anns an Armada. Ma dh’ fhaoidte! ach na fiachainn ri cunntas a thoirt seachad air a h-uile amaideachd agus anaceart a rinn Breatunn chumainn a MAC-TALLA lan gu ceann bliadhna, ach cha bhiodh sin na dhearbhadh do dhuine tuigseach sam bith gu robh na Breatunnaich “riamh gun tuaiream gun toinise.” Cha teid mi idir as aicheadh gun d’ rinn na Spaintich iomadh ni aingidh, ana-ceart, ann an America, ach sheall mi cheana gu soilleir gu robh iad na b’ fherr do na h-Innseanaich na bha na Breatunnaich, agus cha d’ rinn Cona uibhir agus fiachainn ri mo dhearbhadh a bhreugnachadh. Thug mi dha teisteannas feadhach a mheoraich air a ghnathuch, agus cha ghabh teisteannas de ’n t-seorsa so a thoirt gu neoni le facal sgrìobhadair gun ainm ge b’e de cho ard ’s a labhras e. Gun teagamh thuit a Spainn bho ’n inbhe aird anns a robh i; ach thuit, mar an ceudna, a’ Ghreig, a’ Roimh, agus iomadh cinneadh cumhachdach eile, agus co an neach aig am beil tur a their gu robh na Ròmanaich ’s na Greugaich “riamh gun tuaiream, gun toinise.”

Tha mi ’n dochas gu bheil Cona an nisd sgith cainidh. Chain e na Spaintich, agus sin chain e Mac-Iain chionn gun do ghabh e pairt cinnidh nach b’ urrainn freagairt air a son fhein. Ann an caineadh ’s cinnteach gu faigh Cona a chiad dhuais. ’S ainneamh an neach a’s urrainn seasamh na aghaidh, agus ma chumas e aig caineadh, agus ma leanas e air reusan a sheachnadh cha chluinn e ’n corr bho

MHAC-IAIN.

<eng>Oct.<gai> 16mh, 1897.

A’ Ghaidhlig.

Tha 'm bàrd dileas, fonnmhor, Niall Mac Leoid, ag radh:

Duisg suas, a Ghàidhlig, 's tog do ghuth,
Na biodh ort geilt no sgaig;
Tha ciadan mìle dileas duit,
Nach diobair thu 's a' bhlar.
Cho fad 's a shiubhlas uillt le sruth,
'S a bhuaileas tuinn air traigh,
Cha 'n aontaich iad an cainnt no 'n cruth,
Gu 'n teid do chur gu bas.

Nam biodh gach Gàidheal thall 's a bhos co foghainteach, eudmhor,
ris a' bhard Mac Leoid, bhitheadh a' Ghàidhlig a' mealtuinn cairdean
'us cuideachaidh a bheireadh dhi onoir, 'us urram, 'us
soirbheachadh, a bhitheadh da rìreadh, gasda, boidheach, suilbhir
agus taitneach. Bhitheadh MAC-TALLA, mar an ceudna, 'faotuinn baigh
'us molaidh a dh' fhagadh e proiseil, agus a bheireadh dha comas
iomchuidh air canain 'us abhaistean aosmhor nan Gaidheal a' chumail
suas gu gleusda, gu togarrach, 'us gu duineil treubhach. Is iomadh
latha 's bliadhna fada 'thainig 'us a dh' fhalbh o'n bha Oisean nan
caomh dhàn 's nan beusan ciuin, 'us Malaidh-mhine nan seod le cheile
ann an Seallama, 'deanadh iomraidh muladach, 'us milis, air euchdan
'us gnìomharan àillidh, 'us feartan malda, caoimhneil na Feinne. Ma
dh' fhaidte nach robh àm eile ann o'n chaidh an fhoid ghorm a chur
thairis air Oisean agus air a' bhana-charaid

[TD 135]

[Vol. 6. No. 17. p. 7]

ghasda Malaidh-mhine, 'tha co eudmhor ris an àm a tha 'nis ann as
leth na Gàidhlig agus gach ni 'tha Gàidhealach agus airidh air meas,
'us gradh, 'us greadhnachas fhaotuinn bho na Gàidheil ann an tìr an
fhraoich agus ann an tìrean iomallach an t-saoghail, oir ciod e an
cearna anns nach eil na Gàidheil a' tuineachadh agus a' deanamh
moran maith. Tha 'Ghaidhlig co laidir, reachdmhor, agus buinidh dhi
buaidhean co eireachdail, 'us co treun, air chor 's nam bitheadh
sgoilearan le inntinnean geura, 'toirt aire dhi, bhitheadh aice an
diugh, moran leabhraichean, moran ionnsachaidh, agus aite ard,
measail, am measg canainean an t-saoghail gu leir. Tha luchd-
leughaidh MHIC-TALLA 'faotuinn fios gach bliadhna mu na Mhod a'
chuir Gàidheil thapaidh, ard-inntinneach, fhoghlumte, air chois bho
cheann sea bliadhna. Tha aig na <eng>Cymri (Welsh)<gai> bho cheann
iomadh linn cruinneachadh airson an canain 's abhaistean, an daoine
's an dùthcha 'chumail suas, ann an doigh ainmeil, sheasmhach,
onorach. Is e <eng>Eisteddfod<gai> an t-ainm a tha 'n comunn so
'giulan. Tha e 'nis air a ghleidheadh gach bliadhna. Tha na Cuimrich
mar so ro-dhìleas d' an canain fein, agus do gach eachdruidh 'us
abhaist a tha measail, ciatach mu dheibhinn nan daoine bho 'n tainig
iad agus a bha geamnaidh, mor-chridheach anns na laithean a dh' aom.
Tha leabhraichean-lann aca anns am bheil moran eolais 'us bardachd
'nan canain reachdmhor fein. Is e ceatharnaich ghasda 'tha anns na
Cuimrich. Tha iad lionmhor ann am bailtean mora Shasuinn, agus le

dichioll 'us le neart cuirp 'us inntinn, tha iad a soirbheachadh gu math. Tha baigh bhath daonnan aca d' an dùthaich fein agus do na duaisean luachmhor a tha air an tabhairt doibhsan a's modha cliu, 'us eolas, 'us treise foghlum 'us inntinn, anns gach rann 'us rosg, anns gach ceol 'us buadh, a tha measail ann am beachd 's ann an sgeula aosmhor nan Cuimreach. Mar tha MAC-TALLA 'cur an ceill le gairdeachas, tha 'm Mod Gaidhealach a' trusadh cairdeis gasda, bho na Gaidheil uasal 'us iosal aig am bheil speis cheart do gach ni ionmholta 'rinn na Gaidheil riamh do gach bardachd mhilis, ghrinn, a bha taitneach leo; 'us do gach feart inntinn, 'us piob-mhoir, 'us clarsaich air am bheil meas 'us gradh gu dligheach aca. Is e Inbhirnis, baile-mor nan Gaidheal agus na Gaidhlig an diugh, ged tha 'n t-Oban a' deanadh oidheirp ghaisgeil airson a' cheud aite 'shealbhachadh anns a' Ghaidhealtachd uile. Is e 'a Gaidheal grinn, foghlumte, am Frisealach Mac-an-Toisich, a tha 'na cheann-suidhe air a' Mhod air a' bhliadhna so. Anns an stri ard, urramach, a tha 'm Mod le dhuaisean, a' dusgadh suas ann an cridheachan nan Gaidheal, tha àrd, 'us iosal, baird 'us luchd-ciuil, 'us ministeirean an t-soisgeil mar an ceudna, le sgairt, 'us gaisge, 's dùrachd shonruichte, a nochdadh cia co mor 'us maith a tha 'm muirn 's an gradh do na laoch bho 'n tainig iad le 'n canain liath, bhlasda. Gun dragh air bith faodaidh sinn a bhi 'creidsinn gu b' fhearr gu robh am Mod air a shuidheachadh bho cheann iomadh bliadhna. Bitheamaid toilichte gu bheil e 'nis ann, agus gu bheil e eadhon ann an laithean oige 'fas gu laidir, fallain, gu bheil snuadh àillidh na slainte 's na h-uaisle air a ghnuis; gu bheil maithean Albuinn dileas air a chul, agus gu bheil euchdan cheana air an deanamh leis, a tha 'tabhairt tlachd, 'us misnich, 'us toileachais, do na Gaidheil a tha fada bho thir nam beann, agus a tha taingeil do MHAC-TALLA airson gach eolais a tha e 'tabhairt seachad mu 'n Mhod 'us mu gach gnìomh 'us eud a tha na Gaidheil a' deanamh as leth an canain 's an dùthcha.

CONA.

Laoidh.

Feuchaibh, 'naoimh, tha 'n sealladh glòrmhor
Faicibh Fear-a'-bhròin 's na tàir',
Tigh'nn air ais o 'n chath le mhòrachd;
Theid gach glùn da sios gu làr;
Crùnaibh, crùnaibh,
Crùnaibh gaisgeach mor nam blàr!

Aingle, crùnaibh Criosd, an Slàn'ghear!
'S mor a chobhartach 's a bhuaidh;
Glòir is cumhachd thugaibh dhàsan,
'S biodh a chliù gu h-àrd ga luaidh;
Crùnaibh, crùnaibh,
Crùnaibh Iosa, Rìgh nam buadh!

Naimhdean rinn, le crùn 's le smugaid,
Fanoid air Messiah caomh;

Nis tha ainglean 's naoimh na chuideachd,
A' toirt cliù d' a ainm ro naomh;
Crùnaibh, crùnaibh,
'S cuiribh mach a chliù gach taobh!

Cluinnibh a' bhuaidh-chaitheam àghmhor!
Iolach àrd gun sgur, gun sgios!
Criosd ga chrùnadh anns na h-àrdaibh,
Coimeas da cha robh 's cha bhi!
Crùnaibh, crùnaibh
Triath nan Triath, is Rìgh nan Rìgh.

Am MAC-TALLA gu deireadh na bliadhna 1898 air son dolair. Cuir
dolair 'ga iarraidh gun dàil.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 136]

[Vol. 6. No. 17. p. 8]

Iorram na h-Imrich Chuain.

[Chaidh na rainn dhrùidhteach so a chur r'a chéile, bho chionn timchioll air da bhliadhn' deug air fhichead, leis an Urramach D. Mac Rath, an sgireachd Nis, ann an Leòdhas, air do àireamh mhor de 'n choimhthional aige-agus 'n am measg a' chuid a b' urramaiche de na seanairean, d' an robh mor spéis aige-'bhi air dol air imrich do Chanada.]

Chaidh sinne gu tràigh,
A choimheadachd chaich:
Cha till iad gu bràth,
An taobh so!
Long iarunn fo 'm bonn,-
A' sadradh nan tonn:
Tha feadhainn am fonn,
'S cuid tursach.

Clann bheaga ri gair';
A' mhathair fo phramh;
Fir mhor' ann an sas
'S iad ciurrta,
'Fras-shileadh nan deur
Gu tosdach, ach geur;
A' sealltainn 'n an déigh,
Le curam.

Iad fein 'dol an iar,

'S an talamh 'dol siar;
Cha 'n fhaicear leo sion
Ach Mùirneag.
Seall! Mùirneag 'dol uap'
'Dol fodha 's a' chuan;
Fir a's mnathaibh gun tuar,
'G a h-ionndrainn.

Ionndrainn eil' ac' ma ta,
'Toirt cridh' goirt agus cnamh,
Luchd an gaoil a's an dàimh,
'Toirt cul doibh.
Dh' fhag sud iad 'n an déigh,
Ni nach fagar 's nach treig,
Comunn blath latha Dhé
'S a' chùbaid.

Mu 'n tric 'chruinnich an sluagh,
A Shàbaid 's a Luain,
Le mor aire 's cluas,
Do 'n sgeula.
Leigeam seachad an dan;
'S deanam urnuigh a ghnath,
Gu 'n ruig iad cala a's fearr
Na Quebec!

Beir an t-soraidh so uam,
Gu America Tuath,
Thun caoirich a's sluagh
Mo churam.
'N deadh Bhuachaill' e fein,
Biodh rompa 's 'n an déigh
Gu 'n dìon o gach beud:-
Sin m' urnuigh.

Cumha

Air Eobhan Mac Lachluinn, am filidh Abrach, Fear-riaghlaidh sgoil nan Cànan ann am baile seann Abareadhain; a dh' éug ann an tréine a làithean, agus an àirde a bhiùthais, 's a' bhliadhna 1822. Leis an Urramach an t-Olla Mac-an-t-Saoir, nach maireann, Aodhaire Chill-Math-Niobhaig.

'S mi siubhal fo dhubhar a' Mhìll
Tha 'sgàileadh nan Cill so shuas,
Tha m' aigne trom osnachail tìom,
'S mo shòlas cha till ri luaths.

Tha mulad, tha mulad 'g am chràdh,
Bho 'n chaireadh tu 'a tàmh nan leac,
A-chaoimhich 'bu dealasaich gràdh,
Mhic Lachluinn nan dàn lan beachd!

Mo chreach! ged a' b' òrdhearc do ghnàs,
Ge b' iomadach d' aireamh bhoadh,
Gu 'm b' éudar dhut strìochdadh do 'n bhàs,
'Us laidhe 'n caol-thamh na h-uaigh.

Mo leòn gu 'n do strìochd thu cho tràth!
Mo bhron gu 'n do thàmh cho luath!
Dh' fhag so sinn fo airteal 's fo phràmh
'S fo smalan 's an Airde tuath.

Gu 'n d' thug thu lom-sgrìob oirnn, a bhàis,
A dh' fhag sinn gu cràiteach, bochd,
Ar n-ùr-choill, an àilleachd a fàis.
A rùsgadh bho bhàrr gu stoc!

Gu 'n d' fhag thu Lochabar fo bhron
Cha leighis ar leon ri luaths;
Gur geur so a chneidh a laidh oirnn
Bho 'n mheath thu ar dòchas bhuainn!

Gu 'n spùinn thu bhuainn tuigsear nan téud,
A rianadh an t-séis le doigh;
Ard-iùlair na fileachd 's gach séud
Bha 'n ealaidh na Gréig 'n na Ròimh.

Fear-eòlais gach, cainnte measg sluaigh;
Sàr thuigsear gach buaidh fo 'n ghréin;
Sàr ghliocair gach rùnachd tha shuas
Feadh chian-imeachd cuairt nan speur,

An t-Abrach, Mac Lachluinn nan dàn,
An Gaidheal is airde cliu:
A bha de gach nàisinneachd làn
'S a dh' fhòghlum gach gnàs a b' fhiù.

Bu mhilis do chomhradh 's do cheòl,
'S gu 'm b' fhileanta gloir do bhéil;
Co nis chuireas ranntachd air seòl,
Mo nuar! bho 'n nach beò thu féin?

Tha filidh nan aimsir gun lùth,
Air breothadh 's an ùir bho chian;
Cha dearrs gath na gréin' air a shùil,
'S tha spiorad a chiùil gun mhiann.

Thig earrach, thig samhradh mu 'n cuairt,
'S thig foghar nan sguab 'n an déigh,
Thig geamhradh, le 'ghailbhinnean fuar,-
Ach co 'rannas duan g' an seinn?

Ach, nochdaidh an t-earrach, 'n a thrà,
Gu 'm beil e am baigh do 'n t-seod,
Oir sgaoilidh e 'ghorm-fhalluinn àidh
Gu driùchdach, trom, tlàth, air 'fhoid.

'S an samhradh, le dhìtheanan snuagh,
Ni cionthar mu bhruaich do theach;
'S 'n a dhéigh, thig am foghar, fo ghruaim
A sgeadachadh d' uaigh le dreach.

'S ge colgach, neo-bhàigheil, dubh-ghruaim
A gheamhraidh neo-thruacant', ghnùth,
Gu 'n siubhail e 'g osnaich mu d' thuam,
A' sileadh nam fuar-fhras dlùth.

Tha mulad, tha mulad 'g am chràdh,
Bho 'n chàireadh tu 'n tàmh nan leac,
A chaoimhich 'bu dealasaich gràdh,
Mhic Lachluinn nan dàn lan beachd.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Taillear.

SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>

Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prìsean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.
Sidni, C. B., <eng>Sept.<gai> 1, 1897.

[TD 137]

[Vol. 6. No. 18. p. 1]

MAC-TALLA.

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 29 <eng>OCTOBER, 1897. No.
18.<gai>

Freagairt.

DO BHARBARA C LEITCH.

A mhaighdean ainmeil gur duilich searbh leam,
Cho buileach doirbh 'sa tha d' ainm ri inns'
'Sa chanain Ghàilig bha aig mo mhàthair,
'S le 'n deach mo thàladh 's mi air a chich;
A chanain àluin, gur mor mo ghràdh dhi,
Cha ghabh mi nàir dhi ri fad mo linn.
Bha i 'sa ghàradh roimh thighinn Adhamh
'S bidh i gu bràth ann gu'n teirig tìm.

Gach focal riamh de 'n a chànain bhragh ud
Bhi lan do sgiolt agus lan do bhrìgh,
Cha ghabh i fiaradh no cur far riaghailt
Gu ni a chiallachadh nach eil innt'.
Am moran chànain nach feud mi àireamh
Tha focail àraidh is seadh 'g an dìth,
Am measg an àireamh (na gabh mar thàmailt e)
Gheibh sibh "Barbara," 's "Leitch," us "C."

Cha ghabh Gàilig a chur nan àite;
Feumair am fàgail aig tàmh 'us sìth,
'U gu ma slàn leat an diugh a Bhàrbara,
'S a h-uile latha nach faic 's a chì.
Iunsaich Gàilig 's MAC-TALLA làn-dhi,
'S na biodh àireamh dheth ga do dhìth.
An gille còir 'tha 'ga chur an clò dhuinn
Is Gaidheal bòidheach e 'tha gun mhnaoi.

S. M. G.

<eng>October<gai> 22, 1897.

Litir a <eng>Connecticut.<gai>

A CHARAID:—'S fhada bho'n a bha duil agam sgrìobhadh a dh' ionnsuidh a MHIC-TALLA chum gu'm faodadh e bhi taitneach le cuid de 'chuid leughadairean beagan sgeòil fhaotainn air mar a thathas a toirt an aire air an fheadhain a tha cho mi fhortanach 's gun deach iad as an rian anns a chearn so dhe na Staidean.

Anns an Staid so <eng>(Connecticut)<gai> tha tigh-caothaich, no ospidail nan daoine gòrach, air a shuidheachadh air cnoc àrd os cionn a bhaile ris an abair iad <eng>Middletown.<gai>

Thatar a cumail na feodhnach a tha as an rian ann an ochd taighean air an ainmeachadh mar so:—an t-Ospidail Mor, an t-Ospidail Meadhon, an t-Ospidail Deas, agus an t-Ospidail Tuath, an Taigh Mor, <eng>(Main Cottage),<gai> Taigh Hubberts, Taigh Roberts, agus Taigh Tallon. Cha'n eil anns na trì taighean mu dheireadh ach taighean mora, math, a bh' aig na tuathanaich a bha fuireach air a chnoc so mu'n do cheannaich an Stait am fearann airson an fheum a thathas a cur air aig an àm so.

Tha an talamh mu'n cuairt agus eadar na h-Ospidail so air a cumail gle bhoidheach fad an t-samhraidh. Tha garaidair iunnsaichte a toirt an aire orra fad na h-ùine, agus de chuideachadh aige na dh' iarras e. Tha na h-Ospidail agus an taigh mor air an togail de bhrick agus clach ach an t-Ospidail Mor a tha air a thogail de chlach ruaidh ghlas gu h-iomlan.

Tha an t-Ospidail Mor mu ochd ceud troigh air fad agus ceithir stòraidhean air àirde. Tha an taobh a deas dheth air son fhirionnach agus an taobh tuath airson bhoirionnach. Tha an taobh a deas dheth air a roinn na dha earrainn a thaobh fad; anns a h-uile h-earrainn tha ceithir <eng>wards<gai> fear air a h-uile stòri, a deanamh ochd <eng>wards<gai> airson fhirionnach air an taobh deas. Tha an taobh a tuath na's fhaide agus leis a sin tha e air a roinn na trì earannan. Leis nach eil anns an earainn mu dheireadh ach da <eng>ward<gai> cha'n eil ach deich <eng>wards<gai> air an taobh a tuath.

Eadar na sgiathan air gach taobh anns a bheil na <eng>wards<gai> tha taigh ris an abair iad an <eng>centre<gai> anns a bheil oifig an àrd-dhotair, agus oifig aig pairt dhe na dotairean eile; air an ath ùrlar, an stòiri os cionn oifig nan dotairean, tha seòmraichean bidh nan dotairean agus pairt eile dhe'n luchd-dreuchd. Tha seomar bidh aig cuid eile dhe'n luchd-dreuchd air a cheud urlar fodh oifig nan dotairean a tha air an darna urlar. Comhla ri seomar bidh nan dotairean tha talla mor air an treas urlar air son iunnsachadh a thoirt do luchd-faire na feadhnach a tha as an rian, mar is còir dhaibh iad fein a ghiulan agus gu de a's còir dhaibh a dheanamh ann an iomadh càs a dh' fhaodadh tighinn mu'n coinneamh cho fad 'sa bhios iad ann an seirbheis an Ospidail, agus ma dh' fhaoidte a bhios feumail ann an iomadh àite far a faodadh gin dhiubh a bhi ann an am sgiorrach tachairt agus gun dotair deiseil—far an sabhaileadh beagan eòlais beatha gus am biodh ùine air sgil ceart fhaighinn. Air a cheathramh ùrlar tha mnathan agus searbhantan nan dotairean a fuireach.

Ann an Ospidail Mheadhon tha trì <eng>wards<gai> airson fhirionnach agus ceithir airson bhoirionnach. Tha iad so ann an sgiathan air gach taobh dhe 'n <eng>centre<gai> far am bheil oifig an dotair air am bheil an t-Ospidail so mar chùram. Tha an dotair so 's a bhean a fuireach anns a <eng>centre<gai> 's an Ospidail so. Tha an t-àrd-thuathanach agus pairt dhe na ban-fhuaigheachan, trì freiceadan oidhche, ochd searbhantan, an cocaire agus a bhean, agus bana-mhaighistir an taighe, uile fuireach anns an <eng>centre<gai> agus seòmar air leth aig gach aon dhiu.

Tha an t-Ospidail Deas agus an t-Ospidail Tuath anns a cheart dòigh air an suidheachadh ach nach eil anns an Ospidail Dheas ach boirionnaich uile le ceithir <eng>wards<gai> air gach taobh dhe 'n <eng>centre.<gai> Tha ceithir <eng>wards<gai> air gach taobh anns an Ospidail Tuath, firionnaich air an dara taobh agus boirionnaich air an taobh eile. Thathas a togail pios ùr air gach taobh dheth a chumas trì na ceithir a chiadan eile 'nuair a bhios na piosan deas. Tha an Taigh Mor anns a cheart doigh ach nach eil dotair idir a fuireach ann agus nach eil ach aon <eng>ward<gai> air gach taobh dhe'n mheadhon. Tha dotair a dol sgriob da uair 'san latha as an Ospidail Mhor thun an Taighe Mhoir. Tha dotair an Ospidail Deas a dol da uair 'san latha gu Taigh Roberts. Tha dotair an Ospidail Mheadhon a dol gu Taigh Tallon agus dotair an Ospidail Tuath a dol gu Taigh <eng>Hubberts.<gai> Tha coig dotairean a fuireach anns an Ospidail Mhor-ochd dotairean uile fuireach anns na h-Ospidail.

Eadar na taighean anns a bheil pairt de'n luchd-obair a fuireach agus na saibhlean agus a h-uil taigh-stòrach a th' ann, 's ann a tha an Ospidail ri fhaicinn fad as coltach ri baile mor leis fhein; ach cha'n e h-uile baile-mor anns a bheil urad sluaigh, oir tha naoidh ceud deug pearsa as a rian anns an Ospidail, agus tha an luchd-faire, na searbhantan, agus an luchd-obrach eile a deanamh còrr agus da chiad eile.

Tha moran costas ann an cùram nam mi-fhortanach so dha'n dùthaich. Tha cosgais an Ospidail a tighinn gu còrr agus da mhile thar fhichead dolair (\$22,000) 'sa mhios, no da chiad 's trì fichead 's coig mile (\$265,000), 'sa bhliadhna.

Tha 'n t-àm agam sgar air eagal 's gu ruig mi foighidin a chlo bhualadair ro fhada a ceartachadh na tha de mhearachdan ann an litreachadh na litir so, agus gun tilg e an darna taobh i air son lasadh na piob. Na'm biodh m' eolas air sgriobhadh Gaidhlig cho math ri 'm dhùrachd, dheanain na b' fhearr. Slan leibh.

IAIN I. MAC RAING.

Tha fathunn a' dol mu'n cuairt am measg nam paipearan-naigheachd gu bheil Iompaire na Gearmailt uaireannan car beag as rian, agus gu dearbh 'sann ri sin fhéin a tha cuid de àmhuiltean coltach. Thatar ag radh eadhon gu bheileas a' bruidhinn air a chur bhar na cathrach, agus a bhràthair a chur 'na àite, ach cha'n eil e coltach gu'n

deanar sin an dràsda co-dhiu.

[TD 138]

[Vol. 6. No. 18. p. 2]

A' Ghaidhlig.

COMUNN GAILIG INBHIRNIS.

Is e Comunn Gaidhealach Inbhirnis an Comunn a's modha cliu am measg gach Comunn Gaidhealach a tha 'n diugh air an t-saoghal. Buinidh do 'n Chomunn so Gaidheil uasal, ghasda, 'tha measail orra fein, air an canain, agus air gach ni 'tha maith, urramach, agus tarbhach, ann an eachdraidh 's ann an abhaistean nan Gaidheal bho aimsir fad air chul. Tha paipearan foghlumte air an leughadh air iomadh cuspair leis na buill a bhuineas do 'n Chomunn so. Chuir an Comunn so cheana 'mach fichead leabhar anns am bheil eolas 'us sgoilearachd a tha fìor thapaidd 'us taitneach air an tabhairt seachad. Tha 'n Comunn so 'tabhairt dearbhaidh gasda seachad gu bheil nithean luachmhor 'us ionnsuichte aig na Gaidheil ri aithris mu dheibhinn an canan 's an dùthcha fein. Bha Mairi Nic Ealair 'na ban-bhard do 'n Chomunn so ré iomadh bliadhna; agus da rìreadh bu taitneach, bu ghasda, 's b' fhonnmhor a bardachd, agus is ann di fein a b' aithne rannan milis, boidheach, teoma, 'chur an ordugh. Tha aobhar aig gach Gaidheal thall 's a bhos a bhi proiseil gu robh anns an linn so ban-bhard Ghaidhealach co innleachdach, morail, beusach, stuama, ri Màiri Nic Ealair. Is e Niall Mac Leoid a's bard a nis do Chomunn Inbhirnis, agus is maith a's aithne dha cruit-chiuil nan dàn a ghleusadh gu surdail, 'us gu binn.

EACHUNN MAC ILL-LEATHUINN.

Bha gun teagamh anns na linntean a tha fad' air chul, aighear 'us coimhearsnachd fhaoilidh, eadar Gaidheil Eirinn agus Gaidheil Albuinn. Duain Ultach: is e so an t-ainm a thug Eachann Mac Ill-leathuinn do dhuan a thrus e, 's a chuir e a mach ann an doigh phongail. Is e Gaidheal Ileadh foghlumte, agus sar-sgoileir eireachdail a bh' ann am Mac Ill-leathuinn. Anns na Duain Ultach, <eng>(The Ulternan Ballads), <gai> a dheasuich e, ann am Beurla 's an Gaidhlig, nochd e moran eolais 'us dichill, agus thug e moran tlachd do gach neach aig am bheil meas air na duain a bu nos do na seana Ghaidheil a bhi 'seinn o chein. An uair a chaochail an sgoilear malda, geur, dichionnach so, rinn na h-Ilich moran caoidh thairis air, agus thog iad, clach-chuimhne shnasmhor a bheir ainm 'us beusan an sgoilear so sios do na ginealaich a tha ri teachd. Cha 'n eil am measg nan Gaidheal an diugh Gaidheil a tha co muirneach, faoilidh, 'us dileas as leth na Gaidhlig ris na Gaidheil Ileadh.

ORAIN IAIN LUIM.

Tha gach neach, aig am bheil speis do bhardachd nan Gaidheal eolach air ainm 'as òrain Iain Luim Mac Dhomhnuill. Is e bard geur, sgeigeil sgairteil, sgathach, a bha ann. Bha comas iongantach aige air tamailt a' charadh air gach namhaid aig an robh danadas air a ghuth a thogail no air a lamh a shineadh an aghaidh Rìgh Tearlach II. B' abhaist do dhaoine 'bhi 'g radh gur e bard Laibhrichte Thearlaich a bha an Iain Lom. Tha Iain Lom a' dearbhadh gu soilleir gu bheil anns a' Ghaidhlig briathran a tha geur, cruaidh, tamailteach, spideil, airson daoine 'chaineadh, agus deuchainn ghuineach a thabhairt do gach eascaraid, 'us namhaid, 'us do gach neach leis an aill do neach eile cron a dheanamh agus oilbheum dhruighteach a thabhairt. Thrus an t-Urramach Mac Ill-leathuin Mac na Ceardadh, orain Iain Luim, agus chuir e mach iad ann an doigh mhaith. Tha luchd-leughaidh MHIC-TALLA gle eolach air Mac na Ceardadh 's air gach seirbhis laidir, ionnsuichte, rinn e cheana 's a tha e deanamh fathast airson na Gaidhlig. Tha e 'sgriobhadh mar so, "Beannachd leat Iain Luim, chuir mise d' orain a mach cho maith 's cho ceart 's a b' urrainn mi. Tha mi an dochas gu tig aon eigin am dheigh a ni na 's fearr."

<eng>"LYRA CELTICA."<gai>

Thainig a mach an uiridh leabhar beag, tlachdmhor, an <eng>Lyra Celtica.<gai> Is e bean-usal phongail d' an ainm Sharp, a dheasuich an leabhar so. Tha duain 'us orain anns an leabhar so 'tha air an tarruing as gach canain a tha air a labhairt no bha air a labhairt leis gach meanglan de theaghlach farsuing nan Gaidheal no nan Ceilteach, ann an Eirinn, ann an Albuinn, ann an Sasunn, anns an Eilean Mhainneach, agus ann am Breatuinnidh anns an Fhraing. Chitear gu furasda cia co aillidh 's a tha 's a bha smuaintean nan bard Ceilteach, agus cia co comasach 's a bha iad air conaltradh dluth cairdeil, caomh, a chumail ri seallaidhean boidheach, iomadach naduir fein, ri faireachduinnean diomhair, 'us ri ceud-fathann an cridheachan fein, 'us ri gach gnìomh, 'us beachd, 'us abhaist a bha maith annta fein, agus a tha measail, muirneach ann an inntinn 's ann an cleachdainnean nan sinnsir calma, duineil, cruadalach bho'n tainig iad fein. Faodar a radh nach ruig an <eng>Lyra Celtica<gai> naire 'bhi air an uair a bhitheas coimeas air a tharruing eadar a' dhuain 'us orain, agus duain 'us orain nan Sasunnach, 's nam Frangach, no fine air bith eile.

CONA.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UAISLE.

CAIB. XVIII.

Labhair te dhiubh agus thuirt i, "Is clann rìghrean sinn uile, agus tha sinn a' caitheamh ar beatha dìreach mar a chunnaic tu; ach an ceann gach bliadhna feumaidh sinn falbh a so, agus a bhith da

fhichead latha air falbh air cheann gnothaich ro shonraichte a bhuineas dhuinn fhein, ach a dh' fheumas sinn a chumail an cleith air gach neach eile. Agus an uair a theid an da fhichead latha seachad, tha sinn a' tilleadh air ais do'n chaisteal so. B' e 'n de an latha mu dheireadh de'n bhliadhna, agus feumaidh sinn a bhith a falbh an diugh. Ach mu 'm falbh sinn tha sinn a fàgail iuchraichean a' chaisteil gu leir agadsa. Agus a chum an uine a chur seachad, faodaidh tusa a h-uile dorus a tha anns a chaisteal fhosgladh, ach an dorus oir. Tha moran de nithean anabarrach iongantach anns a chaisteal, agus anns na garaidhean a tha mu'n cuairt air, agus ma ghabhas tu beachd orra theid moran de 'n uine seachad gun fhios dhut. Ach air na chunnaic thu riamh na fosgail an dorus oir; ma dh' fhosglas tu e, cha'n fhaic thu sinne gu brath tuilleadh; agus a bharrachd air sin, cuiridh tu thu-fhein ann an an croisean a bhios 'g ad leantuinn ri do bheo-shaoghail. Air an aobhar sin thoir do cheart aire nach bi thu cho amaideach 's gu 'm bi thu 'g iarraidh fios fhaotainn air ni sam bith a th' air a chumail am falach ort, agus mach buin duit. Tha sinn uile ann an dochas gu 'n dean thu mar a tha sinn ag iarraidh ort, agus gu 'm bi thu an so romhainn an uair a thilleas sinn an ceann da fhichead latha. Dh' fhaodamaid iuchair an doruis oir a thoirt loinn; ach bhiodh e na thamailt do phrionnsa mar a tha thusa a bhith fo amhrus nach rachadh agad air an dorus oir fhagail duinte gus an tilleamaid.

Chuir na briathran so a labhair a' bhean-usal dragh mor air m' inntinn. Thuirt mi gu'n robh mi anabarrach duilich a chionn gu robh iad a falbh. Thug mi moran taing dhaibh air son an deagh chomhairle a thug iad orm, agus rinn mi lan-chinnteach iad, gu 'n leanainn i, agus gu 'n deanainn moran a bharrachd air na dh' iarr iad orm a chum gu 'm biodh de thoileachadh agam na bha romham dhe m' bheatha a chur seachad 'nan cuideachd. An uair a dh' fhag iad slàn agam, agus sinn taobh air thaobh gle mhuhadach dh' fhalbh iad, agus dh' fhag iad mise 'nam onar anns a' chaisteal.

Bha iad cho taitneach 's ceo geanail 's cho cridheil 's cho ceolmhor fad na bliadhna 's nuch do smaoinich mi riamh air am beachd, bu lugha 'ghabhail air na nithean iongantach a bha ri 'n faicinn araon anns a chaisteal agus mu'n cuairt dha. Bha m' aire air a togail gu buileach leis gach ni tlachdmhor a bha annta, agus leis a h-uile doigh anns an robh iad, o latha gu latha, 'frithealadh agus a' nochdadh caoimhneis dhomh, agus ged nach robh iad gus a bhith air falbh ach an da fhichead latha bu bhliadhna leam gach latha gus an tilleadh iad.

Thuirt mi rium fhein nach dichuimhnichinn air chor sam bith a' chomhairle a thug iad orm gun an dorus oir 'fhosgladh. Ach o 'n a bha cead agam a h-uile dorus eile 'fhosgladh, dh' fhosgail, mi a cheud dhorus. An uair a chaidh mi 'steach, thainig mi do, gharadh mheasan, agus tha mi 'creidsinn nach robh a leithid air uachdar an t-saoghail. Bha h-uile seorsa meas a bha cinntinn anns an talamh a fas ann, agus bha na craobhan gu leir air an suidheachadh ann an ordugh cho maiseach 's a ghabhadh deanmah. Bha

[TD 139]

[Vol. 6. No. 18. p. 3]

gach aon diubh a toirt toraidh am mach ann am pailteas. Cha'n fhaca mi sealladh riamh cho briagha ris.

Bha'n garadh so air uisgeachadh mar nach fhaca mi garadh riamh roimhe no na dheigh. Bha sruthain uisge a ruith a null 's a nall air feadh a' gharaidh air a leithid de dhoigh 's gu 'n robh gach craobh a' faotainn na bha feumail dhi aig gach am de 'n uisge, agus air an aobhar sin, bha maise is toradh nach gabh innseadh air gach ni a bha fas ann. Bha cuid dhe na craobhan luchdaichte le toradh a bha lan abuich; bha cuid eile dhiubh a bha dluth air a bha abuich; bha cuid fo bhath, agus bha cuid fo dhuilich urar, gorm. Is gann gu'm b' urrainn domh fas sgith a bhith 'g amharc air a' gharadh mhaiseach so; agus mur b'e 'n toil a bh' agam na dorsan eile 'fhosgladh, is docha gu'n robh mi air a chuid bu mho de'n uine a chur seachad ann.

An uair a chaidh mi 'mach agus a dhuin mi 'n dorus, dh' fhosgail mi 'n dorus a b' fhaisge dha. B' e garadh dhithean a bha 'n so. Bha e pailt cho maiseach 's cho ordail anns gach doigh ris a gharadh anns an robh mi roimhe sin. Bha gach seorsa dithean air an t-saoghal a' fas ann. Bha rathaidean leithinn, boidheach, grinn, glan, air fheadh; agus eadar na rathaidean so bha ditheanan a' fas ann an leapannan dhe gach cumadh agus meudachd. Bha aireamh mhor de phoithean dhithean ann mar an ceudna anns an robh na ditheanan a b' aille air am b' urrainn suil duine amharc; agus bha faileadh anabarrach cubhraidh air feadh a gharaidh gu leir. Bha e air uisgeachadh le sruthain bhoidheach de dh' uisge fiorghlan mar a bha 'n garadh eile.

An uair a chuir ni seachad greis mhath de 'n uine 'coiseachd air 'fheadh agus a gabhail beachd air a liuthad ni maiseach a bha ri 'm faicinn ann, chaidh mi 'mach agus dhuin mi 'n dorus.

Dh' fhosgail mi an treas dorus, agus bha 'n sin taigh-eun a bha mor, farsuinn, anns an robh urlar de chloich mharmoir de na h-uile seorsa dath is cumaidh. Cha robh eun bu cheolmoire 's bu mhaisiche fo 'n ghrein nach robh ann. Bha cuid dhiubh ag itealaich a null agus a nall air fheadh, agus bha cuid eile dhiubh ann an ceisean ro bhoidheach far an robh biadh is deoch gu leor aca ann an soithichean a bha ro luachmhor.

Ged a bha 'n taigh-eun so mor, bha e anabarrach grinn, glan air a chumail, mar a bha 'n da gharadh anns an robh mi. Ged a bhiodh ceud pearsa 'g an cumail glan, dh' fhoghnadh dhaibh a bhith cho glan 's a bha iad. Ach cha robh duine ri 'fhaicinn ann an aon seach aon dhiubh. An uair a chaidh a' ghrian fodha dhuin mi 'n dorus agus chaidh mi do m' sheomar fhein. Bha mi suidhichte gu 'm fosglainn gach aon de na dorsan eile, ach an dorus òir.

An la-iar-na-mhaireach dh' fhosgnil mi an ceathramh dorus, agus ma chuir na chunnaic mi an latha roimhe sin ioghnadh orm bu mho gu mor

a bha dh' ioghnadh orm an uair a chunnaic mi an sealladh a bha romham. An uair a chaidh mi 'steach air an dorus so thainig mi do chuirt a bh' air a cuartachadh le aitreimh mhoir, mhaisich air nach 'eil e 'n comas dhomh mion-chunntais a thabhairt. Air an aitreimh so bha da fhichead dorus, agus gach aon dhiubh fosgailte. Anns a' cheud sheomar bha torran de neamhnaidean a bha anabarrach mor; anns an dara seomar bha daoimein agus iomadh seorse de chlachan luachmhor eile; agus gu sgeula goirid a dheanamh dheth, bha na seomraichean eile lan de dh' or 's de dh' airgiod, agus dhe gach ni eile a's luachmhoire a th' anns a' chruthachadh gu leir. Chuir na chunnaic mi a leithid a dh' ioghnadh orm 's gun dubhairt mi, "Ged a bhiodh ionmhas righrean na talmhainn cruinn, cothrom, comhladh ann an aon aite, cha bhiodh uiread so ann. Nach bu mhi an ceann fortanach an uair a fhuair mi coir air an ionmhas maille ris na h-uiread de mhnathan-uaisle a tha cho maiseach 's cho tlachdmhor anns gach doigh."

Ged a dh' innsinn dhiubh mu gach ni eile a chunnaic mi, cha deanainn ach bhur sarachadh 'n 'ur foighidinn. Ach faodaidh mi radh gun do chuir mi seachad naoi latha deug ar fhichead a' fosgladh nan dorsan, agus a' gabhail beachd air na nithean iongantach a bha mi 'faicinn. Ach gus a sin cha d' fhosgail mi an dorus oir.

Mu dheireadh thainig an da fhicheadamh latha-an latha air an robh na mnathan-uaisle gu tighinn, agus nan do chuir mi stamhnadh orm fhein mar bu choir dhomh a dheanamh, bu mhi an diugh an duine bu shona a th' air an t-saoghal; ach is mi nis duine cho mi-fhortanach 's a tha beo. Bha iad gu tighinn an uine ghoirid, agus bu choir do 'n toileachadh a bha orm ri 'm faicinn a bhith air mo chumail o dheanamh an ni a thoirmisg iad dhomh a dheanamh. Ach leis an amadeis a fhuair greim orm, rinn mi ni air son am bi aithreachas orm gu latha mo bhais.

Chaidh mi thun an doruis, agus an deigh dhomh an iuchair a chur anns an toll, bha mi greis eadar dha chomhairle ciod a dheanainn. Uair a theirinn rium fhein gu 'm bu choir dhomh an dorus fosgladh, agus da uair a theirinn nach bu choir. Ach bha mi air mo bhrosnachadh le droch spiorad eiginn a chum easumhlachd a thoirt do 'n aithne a thugadh dhomh, agus anns an droch uair chuir mi car 's an iuchair 's dh' fhosgail mi an dorus. An uair a bha mi 'ga fosgladh, bha mi 'g radh rium fhein nach beanainn do ni sam bith a chithinn ann, agus mar sin nach fhaigheadh neach sam bith am mach gu brath gu 'n d' fhosgail mi e. Cha bu luaithe a dh' fhosgail mi e na dh' fhairich mi faileadh laidir a' tighinn m' am shroin; agus ged nach robh am faileadh mi-thaitneach, gidheadh thug e orm fannachadh. An uine ghoirid chaidh mi na b' fhearr; ach an aite rabhadh a ghabhail agus an dorus a dhunadh mar bu choir dhomh, is ann a ghabh mi steach. Thainig mi gu stabull mor anns an robh moran de luibhean deadh-fhailidh air an sgapadh air feadh an urlair. Bha 'n stabull so lan soluis; oir bha moran de choinnlean ceirach ann an coinnleanan oir, agus moran chruisgeanan anns an robh oladh deadh-fhailidh laiste.

Ged a bha iomadh ni iongantach anns an stabull so, b'e an ni a tharruinn m' aire gu sonraichte, steud-each dubh cho mor 's cho

briagha 's a chunnaic mi riamh. An uair a chaidh mi na bu dluithe dha gus beachd ceart a ghabhail air, thug mi 'n aire gu 'n robh diallaid oir air, agus srian oir 'na cheann. Bha siol eorna air a dheadh ghlanadh agus uisge fiorghlan air a bheulaobh anns an fhraisaich. Choisich mi ceum na bu dluithe dha, agus rug mi air an t-srean, agus thug mi 'mach as an stabull e a chum gu 'm faicinn na b' fhearr e ri solus an latha. Chaidh mi air a mhuin, ach cha ghluaiseadh e a ionaid nam bonn. Bhuail mi buille mhath air le slataig a fhuair mi anns an stabull. Cha bu luaithe a bhuail mi e na thoisich e ri sitrich cho uamhusach 's gu 'n do chuir e 'n cridhe air chrith agam leis an eagal. Ged nach tug mi 'n aire dhaibh an toiseach, bha da sgeith air. Sgaoil e iad, agus dh' fhalbh e air iteig do 'n iarmailt agus mise air a mhuin. Mu 'n do tharr mi sealtainn ugam no uam bha e cho ard 's gu 'n do chaill mi seallaidh air gach ni a bh' air an talamh. Ghreimich mi ris cho math 's a b' urrainn domh; oir bha eagal orm a h-uile tiotadh gu 'n tuitinn bhar a mhuin. An ceann greise thainig e nuas thun na talmhainn aig beulaobh caisteil mhoir, agus mu 'n gann a bhuail a chasan an talamh thilg e bhar a mhuin mi, agus le buille dhe 'earball, chuir e asam an t-suil dheas.

An uair a chaill mi mo shuil, thoisich mi ri cuimhneachadh air na thuirt an deichnear dhaoine oga rium. Anns an am dh' fhalbh an t-each as mo shealladh. Dh' eirich mi, agus mi fo thrioblaid mhoir air son a' mhi-fhortain a thug mi orm fhein, Bha mi greis a' coiseachd air beulaobh a' chaisteil, mo lamh air mo shuil 's mi 'fulang craidh mhoir. Mu dheireadh chaidh mi steach do 'n chaisteal, agus an uair a chunnaic mi an seomar, agus na deich langsaidean mu 'n cuairt ris a' bhalla, dh' aithnich mi gur ann a bha mi 's an aite 's an robh mi mu 'n d' thug an roc leatha mi.

Cha robh an deichnear dhaoine' oga 'staigh anns an am, ach thainig iad a steach ann an uine ghoirid. Cha do ghabh iad ioghnadh sam bith an uair a chunnaic iad mi, no idir a chionn gu 'n robh mi air leith shuil. Thuirt iad, "Cha 'n eil sinn a radh gu 'm bheil sinn toilichte d' fhaicinn anns an t-suidheachadh anns am bheil thu; ach cha 'n eil coire sam bith ri' chur oirnn air son a' mhi-fhortain a thainig ort."

"Cha bhiodh e ceart dhomhsa," arsa mise, "coire sam bith a chur oirbh; oir thainig am mi-fhortan so orm le mo choire fhein, agus

(Air a leantuinn air taobh 142.)

[TD 140]

[Vol. 6. No. 18. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri mìosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, <eng>OCTOBER<gai> 29, 1897.

Chaochail duin' ainmeil ann am Portland, an Stait Maine, o chionn ghoirid, an Seanalair <eng>Neal Dow.<gai> 'Se choisinn a chliù dha, agus a thug air ainm a dhol fad us farsuinn, mar a bha e 'g obrachadh riamh o làithean òige air taobh stuamachd agus an aghaidh reic agus òl deoch-làidir. Tre obair-san chaidh lagh a dheanamh le pàrlamaid na stàite a' deanamh reic stuth làidir dhe gach seòrsa mì-laghail, agus ged nach deach an lagh sin a chumail no chur an gnìomh cho math 'sa dh' fhaodte, gidheadh is lagh e a rinn feum mor. Bha <eng>Neal Dow<gai> ceithir fichead bliadhna 'sa tri deug a dh' aois toiseach an earraich s'a chaidh, agus gu beagan ùine romh 'bhàs bha e cho slàn 's cho tapaidh 'sa bha e riamh. Bhuineadh e do chomunn nan Càirdean, no mar a's trice, theirear riutha na <eng>Quakers.<gai> Bha e na sheanalair-airm anns a' chogadh eadar na Stàitean Tuathach agus Deasach 's na bliadhnaichean 1861-'65. Bha e 'na dhuine onarach ceart, air an robh mor mheas anns gach àite.

Fhuair e fear Tomas Buckley, tuathanach a bha fuireach faisg air <eng>Kentville, N. S.,<gai> marbh na thigh fhéin 'sa mhaduinn Disatharna s'a chaidh. Bha peilear air a chur troimh 'cheann. Bhatar a deanamh a mach an toiseach gu'm b'e mhort a rinneadh, ach an deigh gach ceasnachadh us rannsachadh a dheanamh mu'n chùis, tha daoine dhe'n bheachd gu'm bi a lamh fhéin a chuir crìoch air. 'Si daga bh' aige fhéin a fhuair e ri taobh a chuirp. Thatar ag radh gu robh 'n cansair 'sa bheul aige, 'sgun do dh' fhuiling e cràdh mor ga ghearradh as o chionn ghoirid, agus tha fear de nàbuidhean ag innse gu'n d' thuirt e gu'm b'fhearr leis am bàs fhulang 'na dhol troimh a leithid a rithist. Thatar ag radh cuideachd gu robh meur de 'n chaothach a ruith anns an teaghlach.

Chaochail Sir Iain Orde, uachdaran Uidhist a' chinn a Tuath, air an dara latha deug dhe'n mhios so. Bha e tinn o chionn treis a dh' ùine, ach cha robh dùil ri 'bhàs idir. Bha e tri fichead bliadhna 'sa deich a dh' aois. Bha e 'na dhuine a bha gle làidir 'na bhàrail fhéin, agus cha'n e 'n cliù a b' fhearr a bhiodh cuid de na paipearan-naigheachd Gàidhealach a toirt air. A reir an sgeoil-san,

bha e anabarrach cruaidh air na croitearan 's air an tuath bhig a bh' air a chuid fearainn. Bha e pòsda da uair, agus dh' fhàg e triùir mhac agus triùir nighean. Cha bu Ghàidheal idir e; thainig an teaghlach d' am buineadh e á ceann a tuath Shasuinn.

Tha sinn an dòchas gu'n dean na Gàidheil anns gach àite an dichìoll air son cuideachadh le MAC-TALLA eadar so ris deireadh na bliadhna. Tha toil againn àireamh mhor de luchd-gabhail ùr fhaotainn, agus tha e comasach d' ar luchd-leughaidh sin a dheanamh. Ma chuireas gach neach a tha gabhail a' phaipeir dha fhéin ugainn ainm agus dolair aon de nàbuidhean nach eil 'ga ghabhail, bidh àireamh an luchd-gabhail air a dublachadh. So, mata, deanadh gach neach a dhichìoll, agus na biodh aig Gall no eile ri radh gu bheil dith no deireas air an aon phaipear a tha feuchainn ri bhi 'cumail suas cànan nan Gàidheal.

Thainig litir ugainn air an t-seachdain so bho ar deagh charaid "Iain" ag innse mar a bha cùisean a' dol leotha anns a' Ghàidhealtachd o'n fhuair sinn fios uaithe roimhe. Tha sinn duilich gu robh an litir ro anmoch air son na h-àireamh so, ach gheibh i deagh àite air an t-seachdain s'a tighinn. Cha'n eil aon dhiubhsan a tha sgrìobhadh dh'ionnsuidh MHIC-TALLA a bheir barrachd riarachaidh agus toileachaidh do'n luchd-leughaidh na bheir "Iain" agus 's math leotha bhi cluinntinn uaithe gu tric. "Gu ma fada beò e us ceò as a thaigh."

An deigh gach garg-ionnsuidh a thug Sultan na Tuirce air cur as do na Criosduidhean ann an Armenia, cha'n eil iad mìle marbh fhathast. Tha air a bhliadhna so naodh ceud foghlunaich anns an oil-thigh aig Harput, air amhuinn Euphrates, oil-thigh a tha fo chùram theachdairean as na Stàitean. Mu'n do thòisich an Sultan air obair a mharbhaidh cha robh anns an oil-thigh ach sia ceud foghlumaiche.

Tha bonn-cuimhneachain <eng>(medal)<gai> ri bhi air a thoirt do gach aon a tha beò dhiubhsan a dhion Canada bho na Fenianaich 'sa bhliadhna 1866, agus a chuir fodha ceannaire Riel am Manitoba 'sa bhliadhna 1870. Tha sin gle cheart. Daoine chuir iad fhéin an cunnart bàis air son an dùthcha, cha mhor an ni dhaibh a bhi air an duaisneachadh air an dòigh so.

Ann an Iapan, 's iad na mnathan an luchd-ciùil. Tha na fir ag amharc sios air an obair, agus cha ghadh iad gnothuch ris.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. Feb. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhabition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an

Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 141]

[Vol. 6. No. 18. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha Dior-daoin, an coigeamh latha fichead de Nobhember, air a chur air leth leis an Ard-Riaghladh air son Latha Taingealachd.

Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh, bha fear Rob Mac Culloch, ann an <eng>Debert, N. S.,<gai> air a tholladh le tarbh cho dona 's gu 'n do chaochail e an ceann beagan mhionaidean.

Chaidh fear Micheil Dalton a bhàthadh faisg air Eilean Phictou o chionn da mhios air ais; fhuair a chorp o chionn ghoirid air cladach Cheap Breatunn an iar air <eng>Port Hood.<gai>

Chaidh bristeadh a stigh do stor ann an Sidni Tuath oidhche Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha moran de dh' aodaichean deante air an goid. Cha 'n eil fhios co rinn a mheairle.

Chaidh muc a reic air féill ann a' <eng>Springfield,<gai> an Illinois, o chionn ghoirid, air coig mìle 's ceud dolair (\$5,100), a phris a b' àirde chaidh a phàigheadh air muic riamh. Chaidh ceithir mìle 's trì cheud dolair (\$4,300), a phàigheadh air muic eile deireadh an earraich.

Bha coinneamh aig muinntir Shidni ann an talla a' bhaile oidhche Di-luain, air son cuideachadh a chur gu muinntir Windsor. Dh' aontaich iad mìle dolair a chur g' an ionnsuidh, agus thugadh òrdugh do luchd-dreuchd a' bhaile an t-airgead a chur air adhart gu 'n dàil.

'S i oidhche na Sàbaid s'a tighinn Oidhche Shamhna, ach 'se 's dòcha gu 'm bi an t-Samhainn air a' cumail oidhche Shatharna no oidhche Luain. Tha sinn an dòchas gu 'n toir iadsan a bhios 'gan cur fhéin an céill a reir cleachdadh na Samhna, an aire nach dean iad cron no call air neach sam bith.

Bha bean Iain Mhic Amhlaidh (an t-eildear), <eng>Port Morien,<gai> air chuairt ann am Boston o chionn da mhios, ag amharc air a càirdean. Tha ceithir mìc dhi anns a bhaile-mhor sin a bharrachd air càirdean eile us luchd-eòlais, agus chòrd a cuairt 'nam measg rithe gle mhath. Thainig i dhachaidh Di-satharna s'a chaidh.

Bha an stoirm a bh' ann toiseach na seachdain s'a chaidh anabarrach doirbh timchioll air <eng>Newfoundland<gai> agus <eng>Labrador.<gai>

Bha sia soithichean air an call air cladaichean <eng>Labrador,<gai> agus bha coignear dhaoine air am bàthadh. Bha an stoirm gle mhor mu Eilean a' Phrionnsa cuideachd: bha sneachd agus clach-mheallain a' sileadh, agus bha fuachd mor ann.

Chaidh <eng>Alonzo Hawkesworth<gai> a thoirt gu cùirt air an t-seachdain s'a chaidh. Fhuair e trì mìosan prìosain air son rothair a ghoid, sia mìosan air son stor a bhristeadh, agus sia bliadhna dhe 'n tigh-obrach air son losgadh air fear a chuireadh 'ga ghlacadh. Tha cionta no dha eile air a chur as a leth, agus bidh e air fheuchainn air an son. Faodaidh an t-olc a dhol air adhart car ùine, ach gheibh e tilleadh.

Ann a' Halifacs, air an 20mh latha dhe 'n mhios, chaochail Domhnull Stiùbhart, 46 bliadhna dh' aois. Bha e o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean ag obair air an rathad-iaruinn anns an Iar-Thuath 's an Columbia Bhreatunnach, agus bha e 'na fhear-amhairc-thairis air an iomlan dhe 'n rathad eadar Winnipeg 's an cuan an iar. Dh' obraich e gu cruaidh, agus 'se sin a thug tinneas a bhàis dha. Bhrìst air a shlàinte gu buileach toiseach an t-samhraidh, agus thainig e gu Halifacs, far an do chaochail e mar a dh' ainmich sinn. Chaidh a thiodhlacadh ann am Pictou. Bu mhac e do 'n Urr. Murchadh Stiùbhart a bha 'na mhinistear anns a Bhai 'n Iar agus ann a Hogamah. Bha e 'na dhuine air an robh mor chliù agus measail aig na h-uile chuir eòlas air.

Tha Sidni Tuath a toirt coig ceud dolair do mhuinntir Windsor, agus a bharrachd air sin a' dol a thional airgeid air feadh a' bhaile.

Chaidh bail' Austin, am Pennsylvania, a losgadh o chiann ghoirid, agus cha robh ach mu choig taighean air am fàgail. Thoisich an teine ann an lòd feoir a bhuail ann an solus.

Tha na meairlich ag obair ann a' Windsor, a' goid gach ni air an gabh greim deanamh. Tha iad air fàs cho dalma 's gu bheil gearr shaighdearan air an cur a dhion cuid an t-sluaigh.

Suas gu Di-satharna s'a chaidh, bha da mhìle dheug dolair air a chur cruinn air son cuideachadh le muinntir Windsor, agus thainig roinn mhor a bharrachd a stigh air an t-seachdain so. Cuirear feum air a h-uile sgillinn a ghabhas cur cruinn.

Tha baile arm an stàit Maine anns a bheil an amhach-ghoirt gle dhona, cho dona 's nach eil e coltach gu 'n gabh casg cur oirre. Seachdain gus an Di-satharna s'a chaidh bha ceud pearsa air an leabaidh leatha, agus bha àireamh na muinntir thinn a' sior dhol am meud.

Chaidh <eng>W. C. Anslow,<gai> fear-deasachaidh paipeir-naigheachd ann an <eng>Newcastle, N. B.,<gai> do 'n choille a shealgaireachd aon latha air an t-seachdain s'a chaidh, agus cha d' fhuairesas sgeul air uaithe sin. Bha sgioba dhaoine mach 'ga iarraidh ach cha d' fhuair iad e, 's cha 'n eil fhios gu de dh' éirich dha.

Cha 'n eil na h-ùbhlán ach gle ghann ann an America air a' bhliadhna so. An uiridh bha corr us naodh fichead us ceithir mìle barailte de dh' ùbhlán air an cur gu Breatunn as na Stàitean agus á Canada; ach am bliadhna cha do chuireadh a null ach beagan a bharrachd air sia mìle fichead barailte.

Air a cheathramh latha deug bha tuathanach a mhuinntir Barachois, N. B., a' dol gu Shediach. Thuit a' chuip air, agus air dha bhi feuchainn ri 'togail thuit e as an àite-shuidhe, agus chaidh an carbad thairis air, 'ga mharbhadh air ball. B' ainm dha <eng>Gregoire M. Boudreau;<gai> bha e da fhichead bliadhna dh' aois, agus dh' fhàg e bean us triùir chloinne.

Tha an carbad-iaruinn air sgur a ruith eadar Sidni agus na mèinnean oidhche Shatharna. Tha e coltach gu robh tuilleadh 'sa chòir de throimhe-chéile aca air na carbadan air sailleabh an òil, agus uime sin chunnaic cuideachd a' ghuail iomchuidh stad a chur air a charbad. Bha an carbad a bhi tighinn a stigh na h-uile oidhche Shatharna a' cur roinn mhath airgead an rathad a' bhaile.

Chaidh gille beag le Seoras <eng>McKnight,<gai> ann an <eng>Stewarton, N. B.,<gai> a dh' iarraidh a chruidh aon fheasgair air an t-seachdain s'a chaidh. Cheangail e rop ri adhaircean te dhe'n chrodh agus cheangail e an ceann eile mu mheadhoin fhéin. Theich am mart, agus shlaod i an gille leatha air an talamh, 's nuair a thainig athair far an robh e, bha e marbh. Cha robh e ach aona bliadhn' deug a dh' aois.

Chaidh carbad-iaruinn bhar drochaid faisg air <eng>Garrison,<gai> an stàit <eng>New York,<gai> maduinn na Sàbaid s'a chaidh, agus bha ochd duine fichead air am marbhadh no air am bathadh. Cha 'n eil fhios gu de dh' aobharaich an sgiorradh. Bha suas ri ceud pearsa air na carbaid uile gu leir, ach bhris na ceanglaichean a bh' eadar na carbaid a chaidh thairis agus na trì a bh' air deireadh, agus mar sin bha córr us trì fichead air an teannadh. Bha an rathad air 'n do thachair so, (an <eng>N. Y. Central<gai>), air a mheas gle shàbhailte. Bha a chuid bu mhotha dhe 'n luchd-turuis 'nan cadal, agus bha an latha teannadh ri soilleireachadh. Cha do thachair a leithid de sgiorradh air an rathad ud riamh roimhe.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.30

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b'abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

[TD 142]

[Vol. 6. No. 18. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 139.)

cha b' ann le coire neach sam bith eile."

"Ma tha e 'na aobhar toileachaidh do dhaoine air an d' thainig mi-fhortan companaich a bhith aca, dh' fhaodamaid toileachadh a bhith oirnn. Thachair a' cheart ni dhuinne 's a thachair dhutsa. Bhlais sinn air gach seorsa soluais fad bliadhna iomalan; agus dh' fhaodadh a' cheart sholas a bhith againn gus an latha 'n diugh mur b'e gu 'n d' fhosgail sinn an dorus oir am feadh 's a bha na bana-phrionnsachan air falbh. Cha robh thusa na bu ghlice na sinne, agus rinneadh a' cheart pheanas ort 's a rinneadh oirne. Bhiomaid toilichte gu leor leigeadh leat fuireach comhladh rinn, a chum gu 'n

deanadh tu am peanas a tha sinn fhein a' deanamh, ged nach eil fhios againn cia fhad a leanas sinn air; ach dh' innis sinn mar tha dhut an t-aobhar air son nach fhaod thu fuireach maille ruinn. Air an aobhar sin, bi falbh agur rach gu ruige Bagdad far an tachair an rìgh riut. Nochdaidh esan caoimhneas dhut."

Dh' innis iad dhomh an rathad a ghabhainn, agus dhealaich mi riutha.

(Ri leantuinn.)

Cumhachd Dhe.

Cha 'n e a mhain gun do "chruthaich Dia na neamhan agus an talamh," ach tha e 'g an riaghladh agus 'g an stiùireadh air gach ial. Tha an cruthachadh marbh, gun smuain, gun chomas; agus cha ghluais ni ach mar a ghluaisear e le cumhachd a Chruitheir. Cha ruith uisge sìos an gleann ni 's motha na ruitheadh e suas, mur eignichear e.

Tha cuid de dhaoine a cumail a mach gur e "laghan Nàduir," a their iadsan, a tha cumail gach ni air aghart. Ach is faoineas sin. A reir a Bhiobuill, 's e Dia a tha cumail a chruthachaidh air ghluasad. Agus tha sin a co laidheadh ri réusan. Oir cha 'n eil an "Nàdur" ach Dia agus oibrean Dhé; agus cha 'n eil brìgh an "lagh" gun an reachdadair.

Chithear cumhachd Dhé air feadh an t-saoghail gu léir. Tha na neoil ag eiridh, na frasan a tearnadh, agus na h-uisgeachan a ruith anns gach tìr. Agus cha bheag am meud no 'n àireamh. Is iomad fuaran agus sruth a tha 's a Ghaidhealtachd a mhàin; agus is beag sin de 'n t-saoghal mhor, anns am bheil iomad amhain a tha corr a's mìle mhìltean air fad, agus mìltean air leud. Ma tha aig duine ri aon acha uisgeachadh, is saothair mhor e; ach uisgichidh an Tighearna tìr fharsuinn le frasaibh tròm, agus tha an lan-mara a's sruthan mora a chuain a cuartachadh an t-saoghail air fad. Cluinnear a ghuth 's an tairneineach, agus chithear a neart 's an dealanach, a sgoilteas an darach agus na creagan am prioba na sula.

Tha an Cruithear a toirt fàs a's toradh do gach luidh a's craobh de 'm bheil corr a's ceud mìle seorsa air thalamh. Tha craobhan giubhais an California a tha corr a's ceithir cheud troidh air aird, agus thair leth-cheud troidh an cuairt. Leagadh cuid diubh, agus fhuaras a mach gun robh iad eadar da a's trì mìle bliadhna dh' aois.

Cha 'n e a mhain gum bheil an Cruithear a toirt bith a's beatha do chunntas gun àireamh do bheo-chreutairibh, an doigh do rannsachadh, air feadh an t-saoghail air fad, ach tha e a toirt fas daibh, agus 'g an cumail laidir a's fallain gu 'n crìch. Ged is mor neart an leomhainn, tha eagal air roi' adhaircibh a bhuabhuill, agus cha teid e an gaoth do 'n elephant. Pronnaidh fiacalan a chroghaill claidheamh an fhir a lotadh e; agus tilgidh a mhuc-mhara a luchd-marbhaidh agus am bata 's an speur, le aon bhéum d'a h-earaball.

Cha 'n ann air tìr a mhain a chithear oibrean a Chruitheir, gheobhar

iad an doimhne na fairge maraon. Tha an cuan mor lan de bheothaichibh, dh' iomad seorsa, eadhoin gu ghrunnd, miltean fo 'n uisge, far nach ruig solus no blàths na gréin' iad.

Chithear cumhachd a Chruitheir gu ro shoilleir 's an doinnein, 's a chrith-thalmhainn agus 's na beanntaibh teinntidh. Chunnaic mise, air aird a chuain, croinn long mhor a crith mar shlataig fo neart na sìd; agus dh' fhairich mi deire luing a crith leis na stuaghabh a bha bualadh a toiseach: agus is tric a chitheas creagan mora air an tilgeadh a mach air tràigh, le spairn nan tonn.

Anns a chrith-thalmhainn mhòir, aig <eng>Lisbon<gai>, am <eng>Portugal<gai>, 's a bhliadhna 1755, dh' fhairicheadh a chrith air feadh na Roinn-Eòrpa gu leir, an <eng>Africa<gai>-mu-thuath, agus anns na h Innsibh Shuas. Thogadh tonn air oir-thir na Spainn tri fichead troidh air aird, agus ghluaiseadh uisge Loch Nis. 'S a bhliadhna 1822, thog crith-thalmhainn oir-thir Chili, an America-ma-dheas, their tri troidhean, fad corr a's ceud mìle.

Chaidh Eileinean <eng>Sandwich,<gai> 's a chuan mhor Pasific, ardachadh as an t-sàile, air dhoigh 's gum bheil cuid de na beanntaibh beul ri ceithir mìle deug troidh air aird; agus thogadh iomad eilein eile air an doigh cheudna.

Na'm faiceamaid meall talmhainn, mìle gach rathad, air fad, air leud 's air aird-shaoileamaid gum biodh e ro mhòr; ach cha bhiodh ann ach neoni an coimeas ris an t-saoghal: agus ma sheallas neach air a chuan, o mhullach beinne, is farsuinn an sealladh; ach is ro bheag de 'n t-saoghal mhor a chithear. Gidheadh tha an t-Uile-chumhachdach a tionndadh a chruinne mu'n cuairt gach latha, air dhoigh 's gum bheil an cearcall-meadhoin a ruith corr a's mìle mhiltean gach mionaid mu 'n cuairt do 'n ghréin. Nan gluaiseadh carbad thun na gréine, agus gun siùbh'leadh e leth-cheud mìle 's an uair, dh' oidhche 'sa latha, ghabhadh e corr a's da cheud bliadhna a ruigsinn na greine; ach tha 'n cruinne a dol mu 'n cuairt do 'n ghréin, an aon bhliadhna, astar a tha corr as sea uairean ni 's fhaide na astar na gréine.

Anns a chruthachadh tha iomad saoghal eile, a bharr air a chruinne so, agus cuid diù moran ni 's motha. Tha planaidean <eng>Jupiter, Saturn, Uranus<gai> agus <eng>Neptun<gai> iomad uair ni 's motha na 'n saoghal so; tha <eng>Jupiter<gai> a mhain mu dha cheud deug uair cho mor ris an talamh: agus tionndaidh i mu 'n cuairt an taobh a staigh de dheich uairean thim. Ach is beag na planaidean uile, an coimeas ris a ghréin. Tha 'n lòchran mor so corr a's da cheud deug mìle uair ni 's motha na 'n cruinne; agus cuiridh i ceithir cuir dhi an coig latha fichead gu leith, air dhoigh 's gum bheil a cearcull meadhoin a ruith corr a's ceithir mìle mhiltean gach uair agus tuigear gur uamhasach an teas 's an dealradh soluis air a h-uachdar, nuair a bheirear fanear gum bheil i corr as ceithir fichead muillean mìle 's a deich air astar.

Nuair a sheallar air a ghréin troimh ghloineachan-amhairc, chithear moran de bhuill dhorcha oirre. Tha cuid diù sin corr a's dà cheud

uair ni 's motha na 'n saoghal gu leir; agus tha iad ag atharrachadh bho àm gu àm, gun allsachd; agus tha tuinn dheisneach theineil a sruthadh, agus gaothan loisgeach a seideadh mar dhoinionn garg mu 'n cuairt daibh. Nach eagalach cumhachd an Ti a bheothaich an teine mor so, agus a tha ga chumail a losgadh gun isleachadh fad linntean gun àireamh?

Tha corr a's da cheud planaid a dol mu 'n cuairt do 'n ghrein, cuid ni 's ealamh na 'n talamh, ach a chuid mhor dhiu ni 's moille. Tha Mercuri a crìochnachadh a cuairt an taobh a staigh de ràithe; ach gabhaidh <eng>Uranus<gai> corr a's ceithir fichead bliadhna, agus Neptun corr a's ochd fichead bliadhna. Tha an saoghal so mu dheich uairean air fhichead ni 's fhaide bho 'n ghréin na 'n talamh, agus mar is fhaid as iad, 's ann is moille an cùrsa.

Tha na reultan seasach a feuchainn neart a Chruitheir gu ro shoilleir. Nuair a chithear iad sin le gloineachaibh-amhairc mora, tha iad gun àireamh: tha iomad muillein 's a bhainne-shlighe a mhain. Agus is grian gach aon diu: oir tha iad cho fad as 's nach gabhadh iad faicinn le solus na gréine. Bho cheann ghoirid, fhuair speuradairean a mach astar àireamh ro bheag dhiu, le moran seoltachd agus innealaibh ro eagnaigh: oir cha 'n eil e 'n comas duine astar neart diù a thomhas. Tha an reul-sheasach a's faisge oirnn, ris an abrar Alpha Centauri, corr as da cheud mìle uair ni 's fhaide bhuainn na ghrian. Tha an reul shoilleir so fada gu deas, air dhoigh 's nach fhaicear i am Breatunn. Tha Sirius, no reul a choin, ceithir uairean cho fad as rithe sin: tha Polaris, no an rionnag thuathach, a choig uiread, agus Arcturus a sheachd uiread cho fad as, no mu na tuairmeisibh sin. Cha ghabh astar speurail air bith tomhas gu pongail, mar astar talmhaidh, agus gu sonraichte astar cho mor ri so.

[TD 143]

[Vol. 6. No. 18. p. 7]

Nan deanteadh samhla a chruthachaidh, air dhoigh 's gu 'm biodh oirleach a seasamh airson ceithir fichead mìle mhiltean, bhiodh pairt de mar so. Bhiodh an saoghal mar ghraine beag luaidhe: bhiodh a ghealach mar ghraine mìn gainneamh, trì oirlich air astar, agus a ghrian mar chruinne, mu throidh crosgach, agus mu cheud troidh air astar. Bhiodh Iupiter mar pheileir, oirleach crosgach, agus mu choig ceud troidh air astar; agus bhiodh Neptun mar éitein peasrach, mu mhìle slat air astar. Bhiodh Alpha Centauri corr a's ceithir mìle mhiltean air astar; Sirius, faisg air fichead mìle mhiltean, agus Arcturus, deich mìle fichead mìle air astar.

Cha ghabh meud nan reultan-seasach tomhas, oir cha 'n fhaicear an còm; ach ma bheirear breith bho 'n solus, tha cuid diù moran ni 's motha na ghrian. Tha Alpha Centauri a toirt tuille 's a dheich uiread soluis ris a ghrein, agus Sirius corr 's a cheud uiread.

Nuair a sheallar air na reultaibh seasach troimh ghloineachaibh-

amhairc, chithear gum bheil da reult an cuid, tri am pairt eile, agus ceithir anns na h-uibhir dhiu; agus tha iad sin a dol mu 'n cuairt air a cheile gun tamh.

Bho cheann beul ri ceud bliadhna air ais, thug speuradairean an aire gun robh na reultan-seasach a gluasad gu mall: agus chunncas mar an ceudna gun robh cuid a reir coltais, a sgaoileadh bho cheile, am feadh 's a bha na reultan mu 'n coinneamh a dlùthachadh. Cha robh ach aon doigh air so a shoilleireachadh. B' eiginn gun robh a ghrian a dlùthachadh air a phairt sin de 'n iarmailt far an robh na reultan a sgaoileadh, agus a falbh bho 'n phairt eile.

Mar so fhuaras a mach gum bheil an cruthachadh mor farsuinn uile air ghluasad gach ial, fo laimh an Ti Shiorruidh a dhealbh e. Gun teagamh, "Is mor an Tighearn, agus is ro airidh e air moladh; agus cha 'n fhaodar a mhòrachd a rannsachadh."

Saoil nach gabhadh àireamh mhor de luchd-gabhail ùr fhaotainn do 'n MHAC-TALLA eadar so us Bliadhn' Ur. Cuimhnich gu bheil sinn a tairgse na tha romhainn de 'n bhliadhna so a nasguidh do neach sam bith a chuireas dolair ugainn; gheibh e am paipear gu deireadh na bliadhna 1898. Innis so do d' choimhearsnaich, agus feuch ri toirt orra cur g'a iarraidh. Bu chòir do na Gàidheil uile bhi gabhail MHIC-TALLA, agus cha Ghàidheil cheart iad mur eil iad 'ga gabhail.

Tha cuid a dhaoine a' smaoinachadh gu bheil an saoghal gu leir ag amharc orra fhéin, ach gheibh iad sin a mach an ùine ghoirid gu bheil obair a's fhearr aig an t-saoghal ri dheanamh.

'Nuair nach eil an t-side a' còrdadh ri cuid a dhaoine, tha iad a' cur dhiubh mar gu 'm b' iad an càirdean is coireach.

'S Caochlaideach Gach Ni.

EADAR. LE FIONN.

C' àite 'bheil an comunn àbhach
Leis am b' àbhaist dhuinn 'bhi òg?
Comhladh cruinn an tigh na céilidh
'G éisdeachd sgeulachdan gun ghò;
No air feasgar cùbhraidh Céitein
'Ruith 's a leum air feadh nan lòn-
Chaidh an sgaradh is an sgaoileadh
Mar a ruaigeas gaoth an ceò.

An duth'chaibh céin tha cuid a comhnuidh,
Am measg slòigh a tha gun bhàigh,
'S tha cuid eile 'nis a seòladh
Air cuan mor nan stuadhan àrd';
Chaill sinn buidheann dhiu gu siorruidh
Cha b'e 'm miann 'bhi 'n saoghal a bhroin,
Fhuair iad furan fialaidh 's fàilte
Ann an Aros Rìgh na gloir!

Aon no dha dhiu tha air 'fhàgail
Thoirt na bha a'm' chuimhne 'ris,
Ach cha 'n fhada theid ar caomhnadh,
Leis gu 'r caochlaideach gach nì;
Tha gach bliadhna nis mar thiota
'S beag 'tha fhios dhuinn ciod 'tha 'n dàn-
Oir mu 'm faic sinn crìoch na té so
Bith'dh na ceudan aig a' bhàs.

Tha Stàit Mhassachusetts an deigh ochd ceud mìle dolair a chur air
leth air son na ròidean mora a chur ann an deagh òrdugh. Cò, am
measg ar leughadairean, aig am bheil dùil a bhi beò gus an cuir mor-
roinn Nobha Scotia a cuid ròidean fhéin air dòigh? Tha eagal oirnn
nach eil iad ach gann.

Thatar air fhaotainn a mach gu 'n deachaidh barrachd mor 'sa b'
àbhaist de dhaoine as an rian ann an Sasunn 's an Wales an uiridh.
B'e ceud mios an t-samhraidh an t-àm bu mhiosa air an son. Cha 'n
eil fhios ciod a b' aobhar.

Cha 'n eil ach aon eaglais Chléireach ann am baile-mor Lunnainn anns
nach eil òrgan, 's i sin eaglais <eng>Regent's Square.<gai> Bha
eaglais <eng>Belgrave<gai> gun òrgan gus o chionn ghoirid.

Cha bhi na cairtean-iùil a's fhearr agus na combaistean a's
cuintiche a chum buannachd sam bith dhàsan nach dean cleachdadh dhe
bhi 'gan cur gu feum.

<eng>C. P. MOORE.<gai>
THA SINN A CREIC,
Paipear-tearra Tairnnean
Luaidhe Glaine
Glasan Tuaghannan
Saibh Olla
Sguabaichean Bucaidean
Lainntearan Fudar
Sgeinein Siosaran
Paipear-tubhaidh.
SAOR AIR SON AIRGID.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac Gilleain
DOTAIR FHIACAL,

OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 144]

[Vol. 6. No. 18. p. 8]

Seann Oran.

Thoir fios gu taobh thall nan garbh-chrioch,
O'n 's ni e 'chordas ri meanmne,
Gu 'n d' thòisich taobh tuath na h-Alba
Ri marbhadh a chéile,

Faodaidh fear 'bhios fuar, falamh,
Cruaidh, smearail, foinnidh, fearail,
Fead a thoirt an cluais ballaich
Mur a bi e réidh ris.

Fios gu Eobhain, fios gu Ailein,
Fios gu Domhnull Bàn nan cailleach,
Ciod an truaighe 'chum aig bail' iad

'S a ghealach ag éirigh.

'S ann mu dha thaobh baile 'ghobhain
Tha na fir nach faoin r' an clomhadh,
Bheir iad taomadh air na Rothaich
Fhad 's a gheibhear spréigh aca.

Tha maolanaich ann an Airceig,
Bu mhaith gu slaodadh na creich iad,
'S fhad 'sa mhaireas ni aig Catach
Cha bhi ac, ach leum air.

Cloinn a Phi is cloinn ic Uaraig
Gu de 'n t-aon ni chumadh bhuaibh iad,
Mar sin 's clann Leadhair nan cuaran
An gaillibh a cheile.

N'an gabhadh na cruachan iomain
Mar ghabhas crodh Chille-Chuimein,
Bheireadh mid air bodaich Mhorro
Gu 'm biodh dollaidh beidh orra.

Gun mharbhadh bean uasal thapaidh
Ann an tuasaid o chionn seachdain,
'S feudaidh sibhse crodh is capuill
Thoir dhachaidh 'na h-éirig.

Tha crodh is eich air an leathad
Aig bodaich nach dean an gleidheadh
'S mar be dhomhsa bhi 'am laidhe
Dheanainn rathad réidh dhoibh.

Cha'n fhaca mi 'n t-òran so sgrìobhte riamh 's cha chuala mi riamh
'ga chantain ach an neach o'n d' ionnsaich mi e. Bha 'n duine sin ag
innse dhomh gu 'm b'e fear Iain Mac Rath de mhuinntir Chinntàile a
rinn e. Is e 'n neach ceudna o'n d' d' ionnsaich mi Oran na
Spàintich; bha e 'g innse dhomh gu 'n do dh' ionnsaich 'athair fhéin
Oran na Spàintich bho bheul Mhic Leoid an t-Asainteach air an d'
thug mi iomradh roimhe. Bha an Leòdach a gabhail còir air an òran
mar a bhàrdachd fein A reir mar a dh' fhoghlum mi o'n duine ud tha
mu 125 bliadhna bho 'n dh' ionnsaich an duine e bho Mhac Leòid. Chi
sinn mar an ceudna Iain Mac Codrum (cha'n e Odrum) a cur aon de
òrain bhàrdail fein air fonn òran a ghuinna ris an canadh iad an
Spàinteach. Air dhòigh 's gu bheil e dearbhte gur ann mu 'n àm ud a
rinneadh e. Tha mi duilich a chur an teagamh co b'e bàrd an òrain
chomharraichte ud.

Cha b'e Dòmhnallach am fear a bheireadh suas iobairt gun chostas.
Bha iad rioghail air son a leithid a dheanamh; ach bu mhiann leam a
chluinntinn 'sa MHAC-TALLA an t-àm anns an robh an Dòmhnallach ann.
'S ma bha e 'san là ud faodaidh sinn an dara h-aon a chreidsinn cho
math ris an aon air thoiseach.

Is ann aig àm tagail nan creach a rinneadh an t-oran leis an t-

Sàileach.

AONGHAS MAC AOIDH.

Leanabh An Aigh.

LE MAIRI NIC DHUGHAILL.

'S e leanabh an aigh an leanabh bh'aig Mairi,
A rugadh an stabull Rìgh nan dul,
Thainig do'n ibasach dh'fhulang 'n ar n-aite-
Is sona do'n aireamh bhitheas dha dluth.

'S ann o Bhethelam a thainig an sgeul,
Is binne d'a threud na teudan ciuil,
Armailt na Flaithis 'us ainglean neimh
Ag ard-mholadh Dhe 's a seinn a chliu.

Iriosal striochdadh thainig an Ti so;
'S deacair dhomh innseadh meud a chliu;
Prionnsa na Sith a rugadh mar chiochran
Ann an staid iosail 'us e gun mhuirn.

Eisdibh an fhuaim, le sgeula nam buadh,
A dh' aithris na buachaillean o thus,-
"Gheibh sibh an t-Uan 's a phraisich na shuain;
'S e shaoras a shluagh le buaidh 's le cliu.

"'S e teachdaire 'n aigh a thainig o'n airde,
A dh' innis le gradh na bha 'n a run;
Gheibh sibh 's an stabull, fochar a mhathar,
Naoidhean thug barr air each 's gach cuis."

"Seallaibh, ged a tha e'm praisich 's an stabull,
An armait ro laidir air a chul,
Ainglean o 'n aide frithealadh dhasan.
Cumhachd 'us gras 'us gradh a ghnuis."

Ged a bhios leanabain aig righribh na talmhainn,
Le greadhnachas garbh 's le anabarr muirn;
'S gearr gus am falbh i 's fasaìdh iad anfhann,
An ailleachd 's an dealbh a' searg 's an uir.

'S ioma fear treubhach, gaisgealach, gleusda,
Chaisg air an steud, 's nach eirich dhiubh
A chaidh gus an seidear tiompaid Mhic Dhe
Ag ard-mholadh Dhe 's a seinn a chliu.

Cha b' ionnann 's an t-Uan a thainig g' ar fuasgladh;
Iriosal, stuama ghluais e 'n tus;
E naomh gun truailleachd, cruithfhear an t-sluaigh
A dh'eirich a suas le buaidh o 'n uir.

Seallaibh ciaard e nis ann am Parris,
Ag ullachadh aite d' a chairdean ruin;
O'n cheannaich a bhas dhoibh sonas do-aireamh,
A ghealladh gu brath cha teid air chul.

Athair nan gras! neartaich ar cail
Chum moladh gu brath thoirt dha le cliu,
Do'n Ti a 's ro airde a dh' ullaich dhuinn Sanuighear
A dh' fhuiling am bas 'n ar n-aite 's 'n ar rum.

Teagaisg, a Righ! dhuinn slighe na sith;
A 'd cheumaibh dìreach cum sinn dluth;
Thusa bha dileas dhuinne bho shiorruidheachd
Urras ro chinnteach air ar cul.

Neartaich ar dochas; meudaich ar n-eolas;
Cum sinn 'n ad roidean dìreach dluth;
Le oladh 'n ar lochrain mar ris na h-oighibh
A' seinn ann an glòir an orain uir.

So leanabh an aigh mar dh' aithris na faidhean
'S na h-ainglean ard, b'e miann an sul;
'S e 's airidh air gradh 's air urram thoirt dha-
Is sona do'n aireamh bhitheas dha dluth.

Faisg air
da bhliadhna air ais, sgrìobh an t-Urr. <eng>Job Roadhouse,<gai> á
<eng>Seeley's Bay, Ont.,<gai> 'g ar n-ionnsuidh:-Ceadachibh dhomh
innse dhuibh cho measail 'sa tha mi air K. D. C. Bha mo stamag cho
dona 's gu robh i deanamh coire do m' amhaich, air uairibh bhiodh
eagal orm gu 'n caillinn mo ghuth, ach thug K. D. C. a leithid a dh'
fhaoth'chadh dhomh, 's gu bheil mi creidsinn gur h-e leigheas
stamaig a's fhèrr a dh' fheuch mi riamh.

A RITHIST sgrìobh e air Maigh 25, 1896, mar a leanas:-“Cha chuala mi
neach sam bith a dh' fheuch K. D. C. ag radh dad 'na aghaidh, ach
tha gach aon 'ga mholadh mar leigheas math. Tha e 'ga mholadh fhein
's gach àite 'n teid e.”

Cha toir tim smal air a chliù, agus gun teagamh 's e 'n leigheas air
cion-cnàmhaidh a's fhèrr a gheibhear an Canada. Tha <eng>K. D. C.
Pills<gai> mar an ceudna anabarrach math air son a chuim.

Sampuill a nasguidh.
<eng>K. D. C. Company Limited, New Glasgow, N. S., and 127 State
St., Boston, Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.

ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 145]

[Vol. 6. No. 19. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 5 NOBHEMBER, 1897. No. 19.

Seann Eachdraidh Leodhais.

LE MARTAINN.

Bha seann chleachdadh aig muinntir an eilean so a bhi ag iobradh air Oidhche Shamhna da dhia mara air an robh "Shony" mar ainm, anns an dòigh a leanas: Thainig muinntir an eilean mu 'n cuairt gu eaglais naomh Moluidh, agus biadh aig gach neach dhiubh. Bha peic de bhraich aig gach teaghlach, agus bha so air a dheanamh na lionn. Bha fear dhiubh an sin air a chuir air leth airson a dhol a mach air a mhuir, suas gu mheadhoin, a toirt leis soitheach lionna na laimh, agus air dha seasamh an sin dh' éigheadh e a mach, "A 'Shony,' tha mi toirt dhut an t-soithich lionna so, an dòchas gum bi thu cho caoimhneal agus gun cuir thu ugainn pailteas feamainn airson mathachadh an fhearainn air an ath earrach." Air dha sin a radh thilg e an soitheach lionna do 'n mhuir. Rinn iad so anns an oidhche. An uair a thigeadh e gu tir, rachadh iad uile do 'n eaglais far an robh

coinneal laiste air an altair. Air dhaibh seasamh sàmhach an sin greis, bheireadh fear dhiubh comhar, agus an sin bha a choinneal air a cuir as, agus gun dàil rachadh iad uile a mach do 'n mhachair, agus thoisicheadh iad ag ol a lionna, agus a gabhail òrain. Air an ath mhaduinn thilleadh iad uile dhachaidh air dhaibh a bhi lan-thoilichte gun do rinn iad an dleasdanas chudthromach bhliadhnail so ann an doigh a bheireadh thuca pailteas arbhair. Thubhairt Donull Moiristean agus Coinneach Moiristean, ministearan an Leodhas rium, gun d' thug iad moran bhliadhnachan mu 'n d' fhaair iad toirt air na daoine cumanta sguir do 'n t-saobh-chrabhadh amaideach so ach gun robh e air a chuir as da bhliadhna dheug air fhichead roimhe sin. Is e so ainmean nan eaglaisean an Leodhas agus nan naomh air a bheil iad air an ainmeachadh: Eaglais Chalum-Chille, ann an Eilean Chalum-Chille; Eaglais Pharaer an Carnish; Eaglais Chalum air an Uidh; Eaglais Cutcheon an Garrabost; Eaglais Aulaidh an Griaais; Eaglais Mhicheil an Tollosta; Eaglais Chalum 's na Gearraidhean; Teampull Ronad an Earobie; Teampull Thomais an Tabost; Eaglais Pheadair an Suainabost; Eaglais Chlemen an Dal; Teampull na Cr'o Naoimh an Gausun; Teampull Bhrighde 'am Borgh; Teampull Pheadair an Siaduir; Teampull Mhuire 'am Barbhas; Teampull Eoin 'am Bragir; Teampull Chiarain an Linsbader; Teampull Mhicheil an Ciribhig; Teampull Mhacrel an Cireabost; Teampull Dondan 'am Bernera bheag; Teampull Pheadair, an Eilean Phabaidh; Teampull Chrisdan <eng>(Christopher)<gai> an Uig; Teampull Lennan an Sternvay; agus Eaglais Steornabhaidh.

Roimh an Ath-leasachadh bha na h-eaglaisean agus na cill so uile nan ionadan naomh, agus nan deanadh duine muirt bha e sabhailt cho luath agus a bhiodh e an taobh a stigh do na ballachan. Bha barrachd meas orra 'san àm sin na tha orra an diugh. Bha e na chleachdadh cumanta aca a dhol air an gluin cho luath agus a thigeadh iad am fradharc na h-eaglais ged a robh i fad air falbh. Thuirt Iain Moiristean a Bragar rium an uair a bha esan na bhalach agus a' dol do eaglais Moluidh, thug e an aire gun robh an sluagh a dol air an gluin, agus ag radh Urnuigh an Tighearna, asdar cheithir mile o 'n eaglais. Tha an t-eilean so (Leodhas) air a roinn na dha sgìre, Barbhas agus an Uidh, agus tha tigh ministear agus ministear anns gach sgìre.

NA H-EILEANAN SEUNTA.

Tha tri eileanan beaga an so. Tha Cill an Eilean Mhuire air ainmeachadh air an Oighe Muire. Tha clach ghorm an uachdar na talmhainn an so, rudeigin bog cho fad agus a tha i 'san talamh, ach an uair a tha i a fas cruaidh, is comasach larach sam bith a dheanamh orra. Tha Clach an-trushal an sgìre Bharbhais mun cuairt air fichead troidh air àrda agus faisg air a bhi cho leathan a sin. Tha tri clachan air an cur suas air taobh tuath Loch Carlobhaidh, mun cuairt air dusan troidh anns gach te dhiubh. Tha cuid do dhaoine aineolach an aite ag radh gur daoine iad a chaidh a thionndadh nan clachan le druidheachd, ach tha cuid eile ag radh gur clachan iad a chuireadh suas mar chuimhne air daoine a thuit ann am blàr. Ach is ann aig Callainsh <eng>(Classernis), <gai> a chunnaic mi na clachan bu mho, agus bu lionmhoire, agus a b'iongantaiiche a thachair orm.

Tha an sin naoi deug thar fhichead de chlachan air arda, agus da throidh air leud anns gach te dhiubh. Tha iad air an cuir nan da shreath ochd troidhean fo cheile, agus sia troidhean eadar gach clach, agus tha clach air a cuir suas anns an dol a steach eadar an da shreath. Aig a cheann a deas dhiubh tha air a cheangal riu cuairt chlach <eng>(circle)<gai> anns a bheil da chlach dheug a tha cho ard agus cho fada fo cheile ris na naoi-deug thar fhichead. Tha aon air a cur suas ann a meadhon na cuairt so a tha tri troidhean deug air àirde, agus air chumadh stiuir soithich. Dh' fhoighnich mi do mhuintir an àite gu de am beul-aithris a bha aca a thaobh nan clachan so, agus thuirt iad rium gum b' àite so a bha air a chuir air leth airson aoraidh an àm na Pàganach, agus gun do chleachd an Ard-Dhrui no Sagart seasamh faisg do 'n chloich mhoir anns a mheadhon, agus as a sin gun do labhair e ris an t-sluagh a bhiodh timchioll air. Chunnaic mi bunan chraobhan mora aig ceann Loch Erisfhord, agus tha mun cuairt air ceud de chraobhan òga beithe agus calltuinn air taobh an iar-dheas Loch Steornabhaigh, ach cha 'n eil tuilleadh fiodha a fàs 'san eilean.

Ghearr fear Domhnull a chuain, a tha fuireach ann am baile beag faisg air Bragir ordag aig brisean an t-soluis, agus tha boinne fala a tighinn aisde aig gach briseadh soluis bho 'n uair sin.—
LEODHASACH, 'sa <eng>Highland News.<gai>

An t-Exhibition.

An deigh dhuinn a bhi cluinntinn nam paipearan 's an t-sluaigh a labhairt mu'n exhibition a bh'ann a' Halifacs air an fhoghar so mar an t-exhibition a b'fhearr 's bu shoirbheachaile bha 'sa mhor-roinn riamh, cha bheag air t-ioghnadh a chuir e oirnn a chluinntinn gun deach e gu trom anns na fiachan. Bha coinneamh aca air an t-seachdain s'a chaidh, agus aig a choinneamh sin fhuaradh a mach gu robh a' chosgais ochd mìle deug dolair os ceann na thainig a stigh. Bha sinn fhéin an dùil leis gach bòilich a bh'air muinntir Halifacs mu'n exhibition nach robh teagamh sam bith nach robh e 'n deigh moran airgeid a dheanamh, air àite àireamh mhor mhiltean dholair a chall, a ach bha sinn am mearachd. Anns an latha 'n diugh, 'nuair a chluinneas daoine fuaim mor dhe'n t-seòrs' ud a dol a mach air feadh na tire, ag innse cho math 'sa tha leithid sid 'sa leithid so de ghnothuch a dol air adhart, cha 'n olc an ni dhaibh feitheamh car greis gus an tig deireadh an sgeòil orra. Agus a thaobh an <eng>exhibition<gai> tha e coltach nach d' thainig a dheireadh oirnn fhathast, oir tha iadsan a bha 'ga riaghladh air son pairt de'n chall a chur air ionmhas na mor-roinne.

[TD 146]

[Vol. 6. No. 19. p. 2]

Litir as a Ghaidhealtachd.

FHIR MO CHRIDHE.—Is gann a tha fhos agam cia mar a thòisicheas mi ri

sgriobhadh ugad. Tha ùine fhada o'n a sgrìobh mi an litir mu dheireadh ugad, agus ged nach 'eil dad de thlachd againn taobh air thaobh dhe na leith-sgeulan, feumar uairean a bhith riutha. Feumaidh nise 'aideachadh gur iomadh latha o chionn corr is bliadhna, na'n do smaoinich mi air aig an àm, a dh' fhaodainn sgrìobhadh ugad; ach bha e tachairt gu math tric, gu 'n robh iomadh rud eile agam ri dheanamh an uair a smaoinichinn gu 'm bu chòir dhomh sgrìobhadh a' d' ionnsuidh. Bha mar so dàil 'ga chur anns a chùis o àm gu àm. Mu dheireadh thòisich mi ri bhith 'gabhail rud eiginn de nàire air son an dearmaid a bha mi deanamh ort, agus chuir mi romham nach cùireinn dàil anns a chùis na b' fhaide. Sin agad an t-ùghdair, a charaid, agus mar a thuirt an fear roimhe, "Cha 'n 'eil guth bréige anns an fhìrinn."

Tha mi 'creidsinn nach bu mhisde leat fhein agus le mòran de luchd-leughaidh a' MHIC-TALLA fios fhaotainn uair is uair air mar a tha cùisean a' dol air an aghart anns an t-seann dùthaich. Tha iomadh neach fhathast beò an taobh thall de 'n chuan a rugadh ann an Gaidhealtachd na h-Alba, agus is glé thoigh leatha, tha mi 'creidsinn, cuid de naigheachdan na seann dùthcha a chluinntinn. Cha'n 'eil e an comas dhomhsa mion-chunntas a thoirt seachad mu thimchioll gach ni air am bu mhath le daoine fios fhaotainn, agus air an aobhar sin feumar mo leth-sgeul a ghabhail. Ach faodaidh mi beagaa a ràdh mu thimchioll cor aimsireil an t-sluaigh an cumantas.

Fhuair daoine aimsir cho fabharrach 's a b' àbhaist dhaibh an àm na curachd, ach 'na dhéigh thàinig deich no dusan latha do shìde fuar le frasan flithne agus sneachda. Thug so air an fhochann gu 'n do shearg e beagan; ach 'na dhéigh sin thàinig e air aghart glé mhath. Bha 'n t-sìde anabarrach tioram, teith ré an dara mìos dhe'n t-samhradh, agus dh' fhàg sin am feur-cuir, agus cuid dhe 'n fheul-lòin mar an ceudna, moran na bu taine agus na bu ghiorra na bha e o chionn àireamh bhliadhnaichean. Ach ma bha 'n t side neo-fhreagarrach air son fàs feòir, bha i gle fhreagarrach air tiormachadh na mònachd. Mu 'n d' thàinig àm na buana cha 'n fhaicteadh caoran air poll-monadh, oir bha 'mhòine na cruachan mòra, briagha aig na taighean.

Cha 'n e mhain gu 'n robh am feur tana, goirid seach mar a b' àbhaist dha, ach bha 'n t-àrbhar mar sin mar an ceudna. Tha siol air an àrbhar am bliadhna na 's fhearr na bh' air o chionn àireamh bhliadhnachan; oir mar is trice bidh toradh math ann a' bhliadhna bhios an samhradh agus toiseach an fhoghair tioram, grianach, blàth. Ann an iomadh àite tioram air machraichean Uidhist is Bharraidh, bha cuid dhe 'n eòrna cho goirid 's gu 'm b' fheudar dhaibh a bhith 'ga spìonadh an aite 'bhith 'ga bhuaibh. Cha robh ann, mar a theireadh na seann daoine, ach "coilichean." Neo-ar thaing nach robh dias mhath, bhiachar air. Is iomadh uair a chuala mi seann daoine ag radh, nach robh gorta riamh ann am bliadhna 'choilichein. Ach ged a tha siol biachar, pailt air an àrbhar, bidh am fodar glé ghann na 's lugha na thig, mar is minic a chunnaic sinn, mìos no corr de shìde mhath mu thoiseach a' gheamhraidh. Fhuaradh am feur 's an t-àrbhar fo dhion gun mòran domail sam bith. Bha 'bhuaibh na bu tràithe na b' àbhaist dhi, agus an t-àrbhar a bhuaibh ri side tioram cha dean deannan

troma dhe 'n uisge dolaidh sam bith air, gu sònraichte mur bi ciùine leis.

Cha robh am buntata cho math o chionn iomadh bliadhna 's a tha e am bliadhna. Dh' fhàs e anabarrach math anns gach àite, agus cha do thuit duilleag dheth gus an do thòisich am bàrr ri abachadh gu nàdarra. Cha chluinnear guth no iomradh air a ghaiseadh an àite sam bith air feadh na dùthcha. Bidh seachdain fhathast mu 'n tòisich daoine ri togail a bhuntata, oir ged nach eil ach ceithir latha deug eadar sinn 's an t-samhuinn, tha 'chuisseag fhathast ann an iomadh àite cho gorm 's a bha i riamh, agus bidh leisg air daoine tòiseachadh ri 'thogail gus an cnàmh a' chuisseag.

Cha 'n e mhàin gu 'm bheil am buntata gle phailt, ach tha e mar an ceudna anabarrach tioram. Tha seann daoine ag radh nach cuimhne leotha 'fhaicinn cho tioram riamh o'n a ghais e an toiseach. Is gann gu 'n tig fear dhiubh slàn as a phoit leis cho tioram 's a tha e.

Ach ged a tha 'm buntata pailt tha 'n t-iasg gle ghann. Chuir an t-iasg dubh-chùl ri eileanan na Gàidhealtachd buileach glan am bliadhna, ach ri Steornabhagh 'na ònar. Cha d' rinneadh uiread a dh'iasgach sgadain ach ainneamh riamh ann an Steornabhagh 's a rinneadh am bliadhna. Ach anns gach baile iasgaich eile ann an Alba, chaidh iasgach an sgadain 'nan aghaidh gu tur. Tha moran a dh' fhir-phòsda 's de ghillean òga a' dol gu iasgach an sgadain an uair a chuireas iad crìoch air an àiteach agus a bhuaineas iad a' mhòine, agus tha iad mar so, o bhliadhna gu bliadhna, a toirt, mar is trice, deannan math airgid dhachaidh an uair a thig iad air an ais aig àm na buana. Ach am bliadhna, mar a dh' ainmich mi, chaidh cùisean gu mor 'nan aghaidh. Bha iomadh fear aig nach robh ach gann na bheireadh dhachaidh e.

Chaidh iasgach nan trosg 's nan langan an aghaidh dhaoine mar an ceudna air feadh na Gàidhealtachd. Ach rud a tha cur ioghnaidh air iomadh neach, is gann a gheibhear adagan, no cuibhteagan, no sùidheanan, no bodaich ruadha, ann an lòch seach loch mu'n cuairt nan eileanan Gaidhealach.

Bha deagh phrìsean air spréidh dhe gach seòrsa aig féilltean an t-samhraidh; ach thuit na prìsean gu mor mu thoiseach an fhoghair, agus tha iad mar sin fhathast.

Cha 'n eil sinn an comain nan "geangach" sin thall agaibh fein air son mar a thog iad prìs na mine. Tha iad gleusda mar a bha iad riamh, agus an uair a thuig iad gu 'n robh an cruithneachd gann anns an Roinn-Eòrpa, ghrad thog iad a' phrìs. Tha 'm bolla de fhìlùr <eng>America<gai> ochd tasdain na's daoire na bha e mu 'n àm so 'n uiridh. Cuiridh so iomadh duine bochd aig am bheil teaghlach trom, lag na chabhaig mu 'n teid cruadhag an earraich seachad. Ach cuiridh an Cruithfhear rud air daoine bochda an àm na h-eiginn mar bu ghnàth leis a dheanamh.

Cha bu mhisde leinne air an taobh so dhe 'n chuan fios fhaotainn cia mar a tha soirbheachadh le ar càirdean agus le ar luchd-dàimh thall

agaibh fhein air feadh gach cearn de Chanada, agus air an aobhar sin tha sinn an dòchas gu 'n toir fear dhe na daoine a tha 'sgriobhadh thun a MHIC-TALLA gearr chunntas dhuinn, o àm gu àm, mar a tha cùisean a dol leibh.

An latha 'chì 's nach fhaic. Is mi do charaid,

IAIN.

<eng>October<gai> 15, 1897.

A' Ghaidhlig.

Ann an dàn Oisein do 'n ghrein an àm luidhe, tha e ag ràdh:

An d' fhag thu gorm astar nan speur
A mhic gun bheud a's òrbhuidhe ciabh?
Tha dorsa na h-oidhche dhuit reidh,
Agus paillinn do chlos 's an Iar.
Thig na tonna m' an cuairt gu mall,
'Choimhead an fhir a's gloine gruaidh,
A' togail fo eagal an ceann
Ri d' fhaicinn co àillidh ad shuain.

Bha 'ghrìan na samhlaidh furasda daonnan air treise 'n duine 's air an fhirinn sholuimte gu feum e an deigh dha airde 'mheadhoin-la ruigheachd, dol air ais ann an neart 'us ann an tapaidh, gus fadheoidh am fas e mall 'us lag. Mu dheireadh theid a sholus 'us a threubhantas gu buileach as. Tha, gun teagamh, aig MAC-TALLA cairdean lionmhor am measg Gaidheal Chanada, a tha proiseil gur Gaidheil iad, 'us gu b' urrainn do 'n aithrichean Gaidhlig a labhairt gu pongail, fileanta. Air an son fein, tha iad a' faicinn gu bheil a' Ghaidhlig a' dol air di-chuimhne ann an Canada, 's air an aobhar so, ged tha 'n cridheachan bronach no tiamhaidh gu bheil a' Ghaidhlig lag, euslainteach, cha tabhair iad cuideachadh no faoilidheachd air bith do MHAC-TALLA 'tha 'saoithreachadh gu dileas, aghartach, airson beatha, 's sonas, 'us aighear, 'us fallaineachd a chumail ri canain nan laoch 'us nan treun Gaidhealach a bha 's a dh' fhalbh. Tha Gaidheil ghealtach de 'n t-seorsa so, gu tur aineolach air gach oidheirp ghasda 'tha sgoilearan àluinn a' deanamh as leth na Gaidhlig 'us foghlum nan Gaidheal. Cha 'n eil ach bliadhna no dha bho 'n chaidh Leabhar na h-Urnuigh Choitichionn, a bhuineas do 'n Eaglais Shasunnach, eadar-theangachadh agus a chur a mach gu grinn, boidheach, ann an fìor-eididh na Gaidhlig. Tha ann an

[TD 147]

[Vol. 6. No. 19. p. 3]

Earra-ghaidheil agus ann am bailtean mora Albuinn, Gaidheil a bhuineas do 'n Eaglais Shasunnach no Easbuigeach, agus is ann airson oilean a thoirt dhoibhsan ann an aoradh an Tighearna a chaidh Leabhar na n-Urnuigh Choitichionn eadar-theangachadh agus a chur ann

an uidheam Gaidhealach. Cha do nochd an Eaglais Easbuigeach riamh tìlus no cairdeas sonruichte do na Gaidheil no do na h-Albannaich. Is eiginn, mata, gu bheil a' Ghaidhlig fathast smiorail, neartmhor, agus gu bheil na Gaidheil 'nan dùthaich fein measail oirre 's fìor-dhìleas dhi, o'n chunnaic luchd-riaghlaidh na h-Eaglais Easbuigich iomchuidh an leabhar aoraidh air an d' rinn mi cheana luadh, a chur ann an culaidh aillidh an fhraoich 'us na Gaidhlig. Tha iadsan airidh air urram mor a dh' eadar-theangaich an leabhar so. Is maith a fhuaradh iad. Rinn iad dìchioll gasda agus shoirbhich leotha gu h-ìongantach. Aidichidh sinn gu bheil iad airidh air cliu 'us meas, oir thug iad misneach 'us slainte 's seasmhachd nach eil faoin no suarach do 'n Ghaidhlig aosda, bhrioghmhor. Tha dochas aig gach Gaidheal ceart gu dean an leabhar so maith mor agus gu toir e toileachas 'us beannachadh pailt doibhsan uile airson an deachaidh a chur an ordugh.

Is abhaist do na Sasunnaich fathast a bhi 'feoraich am bheil gramair Gaidhlig idir ann. Tha iad am beachd o'n tha 'Ghaidhlig co garbh, borb, neo ealanta 'n an sealladh fein, nach fhiach i gramair a bhi aice, 's nach eil e comasach canain co mosach, alluidh, a thoirt bho riaghailtean gramair air bith. Cha 'n eil na Sasunnaich a toirt fainear gu robh a' Ghaidhlig comhdaichte le coinneach nan linn 'us gu robh na Gaidheil meamnach 'us cliuiteach ann an stri nan lann air machair 'us faiche 'n air, iomadh latha mu 'n d' rugadh Sasunnach air bith 'us mu 'n deachaidh a' cheud tulgainn a dheanamh air creathall na Beurla no na Fraingeis. Na bitheadh gloir nan Sasunnach co ard, 'us na bitheadh iad co bosdail, 'us co taireil, an uair a tha iad a' gabhail beachd air gramair na Gaidhlig. Tha meas anabarrach agam air na h-Eirionnach, oir bho cheann ceithir cheud bliadhna sgrìobh iad gramair an canain féin. Is ann doibh a's aithne 'bhi 'dearbhadh le ionnsachadh domhainn agus innleachdach gu robh a' Ghaidhlig Eirionnach fonnmhor, fallain, foghlumte, bho cheann da mhìle bliadhna, 's gun do bhuilich i iomadh comhnadh, 'us eolas, 'us caoimhneas air na canainean a tha 'nis ardanach 'us fein-speiseil anns an Roinn-Eòrpa. Is ann an 1778, bho cheann corr maith 'us ceud bliadhna, 'chaidh a cheud grammar Gaidhlig a sgrìobhadh. B' e ughdar a' ghramar so Shaw, no Mac Seathainn. Tha e airidh air cliu, oir cha robh moran cuideachaidh ach a thuigse 's a dhìchioll fein aige. Lean e gu dluth eisimpleir na Laidinn ann an deasachadh a ghramair. Bha inntinn laidir, gheur aige, agus bha speis aige do na Ghaidhlig a choisneas ainm maith daonnan dha, ged a dh' aontaich e leis an t-Sasunnach Mac-Iain, ann a bhi 'creidsinn agus ag radh gur e Mac-a'-Phearsuinn e fein a rinn agus a sgrìobh dain Oisein, agus mar so, nach robh guth Chona 'na bhard riamh aig an Fheinn.

CONA.

Comhradh

EADAR DOMHNULL AGUS FEAR A' BHAILE.

D.—Failte air fear a' bhaile.

F.—Furan ort fein a Dhomhnuill, ciamar tha thu fein 'san teaghlach, 's na laithean so?

D.—Le 'r cead fhir a' bhaile, tha iad uile ann an slainte mhaith, nam biodh an còmhnuidh ann an iomal a' phailteas. Ach cha 'n eil mi fein gu maith idir, idir 's na laithean so.

F.—Mar bheil thu gu maith a Dhomhnuill, cha 'n eil dith coltas na slàinte ort. Ach math dh' fhaoide gur tinneas na h-iomgainn a th' ort, na bruailean dhe 'n t-seòrsa sin.

D.—Mata, 's feudar aideachadh gun do bhuail thu tarunn air a ceann. 'S ann 'thachair dhòmhsa dridfhortan an la roimhe, agus tha nàire agus tamailt orm, gun ag tha mi fo amhludh mor. 'S gann a thogas mi mo shùil ri duine, agus an uair a thachras dhomh gum faic mi praskan dhaoine, an sud 's an so, a' còmhradh, tha ni eigin ag radh rium, "'Sann ortsa tha iad sid a còmhradh, na 'd bhall magaidh aca."

F.—Seadh a Dhomhnuill, ciod am mi-fhortan a thachair riut, a tha 'gad chur fo' amhluidh co mor?

D.—Mata, 's ann a tha sin naigheachd mhor, fhada, righinn, a chumas mise fada ga h-innseadh, agus math dh' fhaoide a chlaoidheas sibhse ga h-eisdeachd, agus thar leum nach bi sin freagrach aig an tra so dhe'n la.

F.—Air t-aghart a Dhomhnuill le d' sgeul agus gabh t-uine ga h-innseadh, agus ni mise d' éisdeachd—

D.—Tha fios agaibh gun robh an fheill san t-Salein Mhuileach, air an t-seachdain so, agus bha bò agus gamhuinn agam do bharsuime, agus rinn mi deas chum an reic air an fheill. Bha a' bhò sean, agus car air a h-ais an culaidh fheola. Ach bha an gamhainn sar mhath. Nis mar thubhairt mi cheana rinn mi deas airson na feill, nigh 's ghlan mi mi fein, agus chuir mi suas mo dheise ùr chlo, callanadh Catriona, agus cha chreid sibh na bha mhoit oirre, mi bhi cho sgiolta, sgiobalta, phongail. Agus air dhomh tarruing air an astar, ghuidh caomhag gach beannachd agus soirbheachadh a a bhi gam leantuinn gus am pillinn dachaidh sàbhailte ga ionnsuidh fein le sgeul mhath. Ach gu de tha agaibh air, rainig mi faiche na feille ag iomain m' fheudail romham agus is gann a sheall mi ugam na uam nuair a fhuair mi ceannaiche do 'n ghamhuinn; reic mi e air ceithir puinnnd 'sa crùn. Ach bha bhò ghlas agam fathast, agus mo shùil a mach airson drobhear dh' ise. Cha b' fhada mar so mi, 'nuair a thainig spealt òg do ghille tuathanaich a ghabhail sealladh de 'ri bho. Arsa esan, "An ann leat tha bho 'bhodaich? "'S ann dh' am sheilbh i òganaich," arsa mise. "Seadh," arsa esan, "tha i sean, sean, 's tha i caol, caol, 's cha chreid mi nach e te dh' an fhior chrodh chaol a bh' aig Pharodh i, ach dh' fhaoide gun gabhadh culaidh a chur oirre bho Nollaig fathast. Nach fuar, fuar, an latha 'th' ann, b' fhearrde sinn ni-eigin a chuireadh blas oirnn. An gabh thu dram a' bhodaich?" "Oh," arsa mise, "cha ghabh, dileag." "Agus," arsa esan, "an ith thu feur a bhodaich." "Oh, cha 'n ith srabh," arsa mise. "'Mar ith a bhodaich, cha chompanach do bheathach no do dhuine thu,"

ars esan. Gu de th' agaibh air a chùis ach gun do thaisich na briathran ud mi, agus thug mi cuiridh dha tighinn leam dh' an bhuth, ni a mhothaich mi a thaitinn ris gu ro-mhath. Dh' iarr mi dram, agus dhol sinn e, 's cha d' rinn sinn reic na ceannachd. Dh'iarr mi dram, 's dram na dha eile 's cha d' rinn sinn reic na ceannachd. 'Sin dh' eirich an t-òganach chum falbh, a toirt moran taing dhomh airson mo chaoimhneas 'sa guidhe soirbheachadh dhomh fein a's dh' an bhò ghlais. 'Se na dramanan ud fhir a' bhaile a dh' aobhraich mo thrioblaidsa. Tuille cha robh neach a shealladh air a bho ghlais, nach tugainn dha drama, gus ma dheireadh, nach bu leir dhomh co-dhiu mo bhrog nan t-osan. Cha mho bha guth na cuimhne air a bho ghlais, ach thug ise a h-aghaidh air a dachaidh, agus gu cinnteach, 's i a b' fhearr eolas air an t-slighe na mise, oir an uair a bha cnocan 's glacan far nach robh iad riamh roimhe, 's an rathad uile, na chama-luban, 's gach craobh, 's cnoc, 's mam, 's beinn, a siubhal mu 'n cuairt, air am bonn fein, co luath ri gille-mirean. Coma co dhiubh, thug mi oidheirp air an t-slighe leis a bheagan tuir a dh' fhàgadh agam, agus air thuiteamas, rainig mi taigh Iain Bhain air eiginn, lan poll 's eabar. Gun thainig mi troimh mhoran thrioblaidean agus dheuchainean, eadar digean, 's garaidhean, 's claisean an rathaid mhor. Le gluinean 's rudain, 's mallean sgriobte, 's air dhomh dol a steach do thigh Iain Bhain, agus a theintinn coir fialaidh a ruigeachd, bha 'n tigh 'san t-urlar, gach poit 's gach coire, a sior dhol mun cuairt, mar gum biodh iad a cur nan car aig ruidhle Thullachain. Leis a bheagan tuir a dh' fhagadh agam, oir dh' iobair mo chainnt mi, thug mi ionnsuidh 's rinn mi greim bais air tenneachan na slabhradh a bha crochadh a nuas bho'n luidhear. Cha luaithe a rinn mi greim air na tenneachan, na thug an t-slabhraidh surdag dhomh gu taobh eile an taighe, 's air m' ais a rithist, a sgapadh gach eibhle, 's luath, na smuid air feadh an taighe, 's a cur car-moiltean do bhean Iain Bhain, a chuile, n' cruisgean san t-amar uisge. Agus mur deanadh Iain Ban greim orm, bhithinn ann an drallaig gu maiduin. Thug Iain Ban deadh chrathadh orm, 's threoirich e mi chum an,

(Air a leantuinn air taobh 150.)

[TD 148]

[Vol. 6. No. 19. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 5 NOBHEMBER. 1897.

Bha baile mor <eng>New York<gai> a' taghadh Ard-Bhàillidh <eng>(mayor)<gai> Di-màirt s'a chaidh. Tha <eng>New York<gai> a nise 'gabhail a stigh Brooklyn agus àireamh de bhailtean bheaga tha timchioll air, agus tha mu leth muillean bhòt ann. Bha àireamh dhaoine a ruith air son na dreuchd, ach cha robh ach ceathrar dhiubh sin aig an robh duil sam bith ri bhi air an taghadh. Bha Van Wyck air ainmeachadh leis na <eng>Democrats,<gai> Seanalair Tracey leis na <eng>Republicans, Seth Low<gai> le muinntir a' bhaile nach robh air son gnothuch a bhi aca ri pàirtidh, agus Henry George le buidheann de na <eng>Democrats.<gai> Mar a chithear an àit eile, chaochail George ceithir latha romh 'n taghadh, agus chaidh a mhac ainmeachadh 'na àite. Bha Van Wyck air a thaghadh; fhuair e mu 210,000 bhòt; fhuair Low mu 145,000, Tracey 100,000, agus George 15,000. B'e Low an duine b' fhearr a bha ruith, agus bha e air a thoirt a mach leis a' chuid a b' fhearr de 'n t-sluagh. Faodar a radh mu 'n deibhinn-san a bha 'cuideachadh Van Wyck nach e 'n cliu a's fhearr a bh' orra o chionn fhada, ach olc no math 's mar a tha iad, tha riaghladh <eng>New York<gai> gu bhi 'nan làmhan fad cheithir bliadhna, agus bidh cothrom aca, re na h-ùine sin, air barrachd airgeid a chur gu deagh bhuil no gu droch bhuil, a reir an toile féin, 'sa th' aig luchd-riaghlaidh baile sam bith eile ann an America.

Bha muinntir <eng>Newfoundland<gai> a' taghadh parlamaid ùr Di-màirt air an t-seachdain s'a chaidh, ach tha a mhor chuid dhe'n dùthaich sin cho iomallach 's cho fad air chùl 's nach d' fhuair eadh fios ceart air mar a chaidh e gu toiseach na seachdain so. 'S iad na <eng>liberals<gai> a bha stigh roimhe so, agus Sir Uilleam <eng>Whiteway<gai> 'na phrìomhair. Bha àireamh mhath a bharrachd aca anns a phàrlamaid mu dheireadh ach rinn an taghadh so an riaghladh a bhristeadh gu dona.

Bidh deich no dusan a bharrachd aig na <eng>conservatives<gai> anns a' pharlamaid ùir. Cha d' fhuair Sir Uilleam <eng>Whiteway<gai> no a chuid a's mo de na h-àrd-mhinistearan a stigh idir, agus tha e gle choltach gu'm bi an dòigh fhéin gu math aig an riaghladh ùr. 'Se Sir Seumas Winter is ceann do na <eng>liberals,<gai> agus gun teagamh 'se bhios 'na phrìomhair. Bha gnothuichean gle fhad air ais agus troimhe-chéile ann an <eng>Newfoundland<gai> o chionn àireamh bhliadhnaichean air ais; bha an riaghladh air a choireachadh air son an cuid fhéin dhe gach olc a thainig air an dùthaich, agus cha'n eil teagamh nach e sin bu choireach iad a chall cho dona. Bha an cath

eadar an da phàirtidh gu math cruaidh, agus is iomadh facal searbh a chaidh fhagail leatha o chionn mìos no dha ais ais.

Tha moran de chàirdean MHIC-TALLA an am a bhi 'cur a phàighidh air adhart a sgrìobhadh beagan a nochdadh an speis dha agus thoirt misneachd dha. Tha aon charaid ag radh nach eil e dealachadh ri dolair fad na bliadhna a tha toirt barrachd toileachaidh dha na an dolair a tha e 'cur dh'ionnsuidh MHIC-TALLA. Tha fear eile 'g radh nach biodh e as aonais air son a dheich uiread 'sa tha e 'cosg dha, agus tha moran eile a' cur nan smuaintean ceudna ann briathran eile. Tha sinn thoilichte bhi cluinntinn o ar càirdean mar so, agus aoibhneas oirnn gu bheil am paipear a còrdadh riutha; tha sinn an dòchas gu'm bi 'nar comas a dheanamh cho math 's gu'm bi e a' tigh'nn na's fhior fhearr ri càil an luchd-leughaidh mar a bhios an ùime 'ruith, moran taing dhaibhsan a tha 'cur an céill dhuinn am meas agus an deagh dhùrachd a th'aca do'n MHAC-TALLA.

Cha'n eil ach droch sgeul a' tigh'nn as a Chlondaic. 'Se baile Dawson an t-aite 's fhaisge air an tir fhiadhaich sin de'n t-saoghal àitichte. Tha moran dhaoine anns a' bhaile sin a feitheamh cothrom gu dhol do dhùthaich an òir; tha fios air tighinn an dràsda gu bheil plàigh air bristeadh a mach 'nam measg leis am bheil triùir no cheathrar a' bàsachadh na h-uile latha. Tha e coltach gu bheil an droch gheamhradh rompa, agus gur h-iad na daoine dh'fhuirich aig an taighean a's fhearr a bhios dheth. Ach dòirtidh slugh mor a stigh ann toiseach an t-samhraidh. Is docha gu'm bi slighe ùr air a fosgladh an uair sin, a dol a tuath bho Edmonton 's an Iar-thuath agus a' leantuinn nan aimhnichean mora. Bidh an t-slighe sin na's giorra agus na's lugha cunnart na'n 'n t-slighe thatar a' gabhail am bliadhna.

Bha cogadh fuilteach anns na h-Innsean o chionn seachdain eadar an t-arm Breatunnach agus treubhan de na nàisinnich. Mar is àbhaist bha réiseamaid Ghàidhealach-na Gordonaich-air a cur air toiseach 'sa bhlàr agus 's ann tre 'n gaisge a fhuairleadh buaidh. Tha an cliù a nise ann am beul nan uile. Bha piobaire anns an réiseamaid a chaidh a leònadh tràth 'sa bhlàr; chaidh peilear troimh a dha aobruinn 's cha b' urrainn da ceum coiseachd a dheanamh, ach shuidh e far an robh e 's chluich e air a phiob gu fonnmhor fhad 'sa bha a chompanaich a toirt buaidh air na naimhdean.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>F. W. MORLEY,<gai>
DOTAIR FRADHAIRC

An aon fhear dhe sheòrsa th' air Eilean Cheap Breatunn.

Faodar fhaicinn anns an stòr aig <eng>F. & J Morley.<gai>

Neach sam bith aig am bheil droch fhradharc, no tha cosg speuclair nach eil a freagairt dha 's coir dha toghal air.

Tha stoc math de speuclairean 's de ghlaineachan sùil aige, agus ni e suas nungaidhean air son leigheas agus ceartachadh shùilean.

Sidni, C. B. <eng>Feb<gai>. 1, '96.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil,
Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air
am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada.
Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig
Exhabition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe
na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd
air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an
Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus

D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 149]

[Vol. 6. No. 19. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha stoirm mhor shneachda ann an cuid de na Stàitean an Iar air an t-seachdain s'a chaidh. Tha 'n geamhradh air tigh'nn orra gu math trath anns a' chearna sin de 'n t-saoghal.

Tha Riaghladh Chanada a dol a chur a mach seòrs' ùr de stampaichean litreach. Bidh iad air feadh na dùthcha cho luath 'sa theirigeas an seòrsa thatar a' cur am feum an dràsda. Cha mhair na th' air laimh dhiubh sin ach mu mhios eile.

Bha seana bhean d' am b' ainm <eng>Mrs. Blair<gai> ann a <eng>St. Joseph,<gai> an Cuibeic, a smocadh an la roimhe agus rinn an teine greim air a cuid aodaich 's bha i air a losgadh gu bas. Chaidh an tigh 'na theine cuideachd agus bha e air a losgadh gu làr. Bha <eng>Mrs. Blair<gai> tri fichead bliadhna dh' aois.

Bha "Suipear Samhna" air a cumail ann an talla ùr eaglais <eng>St. Andrew's<gai> oidhche Dior-daoine air an t-seachdain s'a chaidh, air son airgead a chur cruinn gu cuideachadh leis na thatar a' cur ris an eaglais. Chaidh mu shia fichead dolair s'a deich a dheanamh, suim a bhios 'na chuideachadh mor do 'n choithional.

Fhuair litir an àrd thigh na cuspuinn ann <eng>Ottawa<gai> o chionn ghoirid anns an robh mìle 's leth-cheud dolair. Bha criomag de phaiper còmhla ris an airgead air an robh sgriobhte na facail "Airgead Cogais." Cha 'n eil teagamh nach ann o neach eigin a bha ri smugladh agus a ghabh aithreachas a bha 'n t-airgead.

Chaochail duin' òg, <eng>Seward Rudderham,<gai> anns a' bhaile so Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh. Bha e ann an droch shlàinte o chionn treis a dh' ùine. Dh' fhàg e bean agus aon phàisde, aois bliadhna. Chaochail am pàisde sin 'sa mhaduinn an dé, agus tha a bhantrach bhochd air a fàgail leatha fhéin. Bha e gle mhuladach an da bhàs a bhi cho dlùth dha chéile.

Thachair sgiorrachd muladach o chionn ghoirid ann a' <eng>Foot Hills, Ont.<gai> Bha dithis chloinne le I. R. Rudd air am fàgail a stigh leatha fhéin, gille sia bliadhna dh' aois, agus nighean, tri bliadhna. Fhuair an gille greim air gunna 'bha stigh, agus air dha a bhi 'ga laimhseachadh, dh' fhalbh an urchair, agus chaidh an ceann a chur bhar na h-igh'ne bige. Tha cridheachan gle ghoirt aig na pàrantan bochda.

Di-màirt air an t-seachdain s'a chaidh, ann am baile <eng>New Glasgow,<gai> chaochail an t-Urr. Deòrsa Patterson, aon de sheann mhinistearan na h-Eaglais Chléirich, agus duine a bha ainmeil innte. B' ogha e do 'n Urr. Seumas Mac Griogair, D. D., a bh' ann an Pictou, agus sgriobh e eachdraidh a bheatha. Bha e 'na fhear-deasachaidh air caochladh phaipearan, agus chuir e mach àireamh leabhraichean. Cha robh e tinn ach ùine gle ghoirid. Bha e tri fichead bliadhna 'sa ceithir deug a dh' aois.

Bha <eng>Henry George,<gai> a tha ainmeil air feadh an t-saoghail air son nam beachdan a bh' aige thaobh fearainn agus caochladh nithean eile, gu ruith air son Ard-Bhàillidheachd <eng>New York,<gai> ach 'sa mhaduinn Di-haoine s'a chaidh, thug am bàs air falbh e. Bha e saothreachadh gu cruaidh am measg sluaigh a' bhaile, agus bha e ann an droch shlàinte, ach cha robh dùil aig neach sam bith gu robh a bhàs cho faisg. Chaidh e chadal oidhche Dior-daoin mar a b' àbhaist, ach trath 'sa mhaduinn fhuaireadh gu robh e a' caochladh. Chaidh lighiche thoirt g'a ionnsuidh ach cha b' urrainn da feum sam bith a dheanamh dha, agus mu sheachd uairean thug e suas an deò. Bha e leth-cheud bliadhna 'sa h-ochd a dh' aois. Cha robh ach ceithir latha eadar a bhàs agus latha 'n taghaidh. Chaidh a mhac ainmeachadh gu ruith na àite air son na h-Ard-Bhàillidheachd.

Bha leanabh, aois thri seachdainean, le fear Deòrsa Kincade, ann an <eng>St. John, N. B.,<gai> air a ghearradh 'san aodann le radan cho dona 's gu 'n do chaochail e. Bha an leanabh 'na chadal 'nuair a rinn an radan greim air.

Chaidh boirionnach, bean <eng>I. W. McCurdy,<gai> a bhàthadh ann am <eng>Musquodoboit, N. S.,<gai> Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaidh. Chaidh i dh' an amhuinn a dh' iarraidh uisge, agus tha e coltach gu 'n d' thainig laigse oirre. Bha an t-uisge gle thana far an deach a bàthadh.

Thatar a meas gu robh mu cheud <eng>moose<gai> air am marbhadh ann an Nobha Scotia 's an Ceap Breatunn air an fhoghar so. Ma leanar air an sgrios mar sin cha ruith moran bhliadhnaichean gus nach bi gin de na fiadh-bheothaichean sin air am fàgail. Bu chòir do lagh na dùthcha an dion beagan na 's fhèarr na tha e deanamh.

Cha 'n eil teagamh sam bith a nise nach b'e tigh'nn ri bheatha fhéin a rinn Tomas Buckley, a fhuaireadh marbh ann am <eng>Berwick, N. S.,<gai> deireadh na seachdain romh 'n t-seachdain s'a chaidh. Fhuaireadh sporan amis an tigh anns an robh ochd ceud dolair. Cha 'n eil fhios ciod a bha cur air a thug air lamh a chur 'na bheatha.

Cha d' rinneadh moran sam bith de chleasan Samhna anns a' bhaile air an turus so. Dh' fhaoidte gu robh na gillean eadar dha chomhairle co-dhiu chumadh iad an t-Samhuinn oidhche Shatharna no oidhche Luain, agus mar sin nach deach iad a dh' obair gus an robh an da oidhche seachad. Ach cha 'n eil daoine 'gearan air cho beag 'sa rinn iad idir.

Thainig fear Iain Mac-an-Tòisich ri bheatha fhéin an <eng>New Glasgow,<gai> maduinn na Sàbaid s'a chaidh. Ghabh e a bhiadh, agus chum e an t-aoradh mar a b' àbhaist, agus an deigh sin chaidh e d'a sheòmar-cadail agus chuir e crìoch air fhéin. Bha e 'na fhear-togail thaighean, agus chaill e gu dona leis an teine losgadh thaighean a bha e 'togail ann a' Windsor. Chuir so uiread dragh air 's gu'n deach an inntinn aige air aimhreit. Bha e 'na dhuine air an robh mor mheas anns a' bhaile; bha e 'na eildear anns an Eaglais Chléirich o chionn iomadh bliadhna.

Iadsan a Phaigh.

Iomhar Domhnullach, Sidni Tuath
Aonghas Gillios, Sidni Tuath
\$2.00

Seumas I. Mac Gilleain, <eng>Woodbine.<gai>
Iain Mac Dhiarmaid, <eng>Boulardarie<gai> 'n Iar.
Domhnull Mac Cuthais, <eng>Bridgeport.<gai>
Aonghas Domhnullach, Drochaid na h-Aimhne Tuath.
Alasdair Mac Gille-mhaoil, <eng>Catalone.<gai>
D. K. Domhnullach, Taobh Tuath <eng>Boulardarie.<gai>
Eobhan Mac Leoid, Gabarus.
Ailein Domhnullach, Amhuinn a Bhradain.
Domhnull Mac Fhearghais, <eng>Caribou Marsh.<gai>
Iain Mac Amhlaidh (Eildear), <eng>Port Morien.<gai>
Iain Mac Gill-fhaollain, <eng>Roseburn.<gai>
\$3.00

Micheil Mac Neill, (fear-aiseig), <eng>Washabuckt.<gai>
\$3.00

M. D. Mac Leoid, Sidni Tuath.
25c.

Iain A. Mac Fhionghain, <eng>Big Beach, Shenacadie<gai>
25c.

Domhnull I. Mac Neill, Eilean <eng>Christmas,<gai>
25c.

Bean Iain Mherlin, <eng>Springhill, N. S.<gai>
Domhnull Johnston, <eng>Springhill, N. S.<gai>
Domhnull Gillios, <eng>Orwell, P. E. I.<gai>
\$2.00

Domhnull Mac Cuthaig, <eng>Dalkeith, Ont.<gai>
Uisdean Mac Colla, <eng>Strathroy, Ont.<gai>
D. R. Mac Cuthaig, Cnoc-na-h-Eaglais, Ont.
Aonghas Mac Cuthaig, Cnoc-na-h-Eaglais, Ont.
Domhnull Mac Gille-bhrath, Cnoc-na-h-Eaglais, Ont.
Calum Deòra, Dunbheagain, Ont.
Alasdair Friseal, Dunbheagain, Ont.
Iain Domhnullach, <eng>Portage la Prairie, Manitoba.<gai>
Coinneach L. Domhnullach, Scèabost, Alba.
Domhnull Mac Gilleain, <eng>New York.<gai>
Alasdair Mac Neill, <eng>Seattle, Wash.<gai>
\$4.00

Bean Thomais <eng>Elder. Boston, Mass.<gai>
2.00

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim

.30

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b'abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

(Air a leantuinn, o thaobh 147.)

doruis, an duil gun deanainn an rathad dhachaidh leam fein, bho 'n bha ghealach a' nis air eiridh an airde na speur. An tra a rainig mi 'n blàr a mach 'sa thog mi mo shuil ris an speur, cha 'n e aon gheallach mar a b' abhaist bha 'n sud ach a tri, 's iad a ruith cho luath ri roth mhor a mhuillinn mu 'n cuairt air a cheile. Gach rionnag 'bha anns an speur, mar gum bitheadh iad a ruith reis fiach co bu luaithe bhiodh a steach ann an te dhe 'na tri gealaichean. Is beag a smuaintich mise, gur e mo cheann fein anns an robh am mearachd, gus an tug mi plub, ann 'n lùb an duin, agus ma chaill mi mo chainnt roimhe, chaill mi sin mo thur 's mo rian. Ach thug Iain Ban dhachaidh mi, cha b' ann gun strith, gus an do chuir e stigh air dorus na catha agam fein mi, ann an lathair Catriona, agus air dh'ise a suil a thogail, shath i anam le teanga, gam smadadh a mach as an tigh. Ach 'n uair a thug i oidheirp air leaba a thoirt dhomh air cùll na còmhla, 's ann a thuig i gur e a Domhnull féin a bha aice. "Mo chreach 's mo sgaradh," ars ise, "'diol mo dheise ùr chlo; bu sgiobalta, pongail thu 'fàgail do thaighe 'sa mhaduinn, ach 's eireachdail an spelachdair thu tighinn dachaidh gu 'd mhnaoi an nochd." Fhir a' bhaile, cha b' urra dhomhsa aon lide a radh, a ghabhail mo lethsgheil fein, oir bha mi tur balbh. Ach bha mi a deanadh seoladh coraig air an leaba, an aon aite a b' fhearr a fhreagrachd orm aig an àm air an t-saoghal, agus far an do chadail mi thairis an t-suanach a bha nam cheann. Agus air dhomh eiridh 'sa mhadainn, thog mi orm gu tigh Iain Bhain a dh' fhiosrachadh ciamar a thachair dhomh an raoir. Agus air dhuinn amas, thug sinn oirnn tigh a chladaich, a leathas gach tubaist, far an d' rinn sinn fuireach gu beul an anamoich. Agus 'nuair bha duil againn a bhi teannadh ri'r dachaidh, co a shaolas sibh a thainig a steach do 'n t-seòmar cheudna, ach Catriona agus bean Iain Bhain. Chuir iad failte chridheil oirnn, 's shuidh iad taobh eile an taighe. 'S mun gann a shuidh iad ghairm Catriona air botal spioraid; arsa bean Iain Bhain, 's i bualadh a' bhuid, "a nuas a dha dhiu. Carson nach bitheadh an cuid fein do thoileachadh 's do fheala-dha an t-saoghail so aig na mnathan co math ris na fir. Lion am mach la bàr 's le gucaig e," arsa Catriona; "Sid ort," arsa bean Iain Bhain, "Durachd math na chomain," arsa Catriona. Sheall mi fein an aodann Iain, 's ma sheall, shaoil leam gun robh e 'n duais bhàis, bha aogasg ro bhronach, agus creideamh nach robh mi fein dad ni b' fhearr. A bhi cluinntinn nan deochan slainte, 'sa faicinn an crathadh lamh a bha aig na mnathan, bha mo chridhe an iomais sgàineadh; dh' eirich fa chomhair na h-inntinn agam, bochduinne, 's àmhghair, 's truaighe, dhomh fein 's dh' am theaghlach, ma bha Catriona dol a theannadh ris an òl, ni a bha a reir coltais bha cinnteach, oir bha mi faicinn gun robh an dara botul gu bhi traighte. Co-dhiu a dheanamh sgeul ghoirid dh' an chuis, fhuair Ian Ban 's mise ar sarachadh mu 'n d' thug sinn dachaidh na mnathan, thar dhigean 's bheallach, air ar tamailteachadh ann an sealladh air coimhearsnaich. 'S e am bron a's fasa fhaotainn.

Fhir a bhaile sin agaibh mo sgeul, agus fath mo thrioblaid, agus cha

bhòidheach i ri aithris. Agus a nis tha mi cur mar fhiachaibh oirbhe an tigh agamsa a ruigheachd am màireach agus leabhar “Comunn na Stuumachd” a thoirt leibh gus an cuir mi fein 's Catriona 'sa chlann an ainmean ris, oir cha fhreagair a' choinneal a bhi lasadh aig an da cheann.—E. S. C. 'sa <eng>Highland News.<gai>

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI. —EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. XIX.

Air mo thurus an so thug mi dhìom an fheusag, lom mi mo mhalaidhean, agus chuir mi umam eideadh caladair. Thainig mi air turus fada, agus feasgar an de thainig mi gu geata 'bhaile far an do thachair an dithis chaladairean so eile rium, a bha 'nan coigrich mar a bha mi fhein. Bha ioghnadh gu leor oirnn 'nar triuir a chionn gu'n robh an t-suil dheas a dhith air gach fear dhinn; ach cha robh uine againn gus ar n-eachdraidh gu leir innseadh do chach a cheile. O'n a bha 'n t-anmoch ann thainig sinn a steach do 'n bhaile feuch am faigheamaid aite anns an cuireamaid seachad an oidhche. An uair a thainig sinn thun an taighe so, ghuidh sinn oirbh cuid na h-oidhche a thoirt dhuinn, agus rinn sibh sin gu caoimhneil.

An uair a chuir an treas caladair crìoch air na bh' aige ri radh, thuirt Sobaide ris an da chaladair eile:—“Tha bhur saorsa agaibh; faodaidh sibh a bhith falbh an taobh a thogras sibh.”

Ach fhreagair fear dhiubh, agus thuirt e, “A bhain-tighearna, tha sinn a' guidhe oirbh, ma 's e bhur toil e, leigeadh leinn fuireach gus an cluinn sinn eachdraidh nan daoine nach do bhruidhinn fhathast.” Thug i dhaibh cead fuireach.

Thionndaidh i ris an rìgh agus ri 'dhithis chompanach, agus thuirt i riutha, “Feumaidh sibhse 'nis cunntas a thoirt seachad mu 'r deidhinn fhein.”

Fhreagair an t-ard-chomhairleach, agus thuirt e, “A bhaintighearna, a chum deanamh mar a tha sibh ag iarraidh oirnn, foghnaidh dhuinn na dh' innis sinn aig an dorus mu'n d' thainig sinn a steach, aithris dhuibh. Is triuir mharsantan sinn a thainig a <eng>Mosul<gai> gu ruige <eng>Bagdad<gai> a reic bathair; Bha sinn fhein agus marsantan eile aig dinnear an diugh ann an taigh aon de mharsantan a bhaile; agus an deis do 'n dinnear a bhith seachad, bha sinn ri ol 's ri ceol 's ri dannsa. Bha leithid de ghleadhraich 's de shraidhlich fa near dhuinn 's gu 'n d' thainig maoir g' ar glacadh. Ghlac iad cuid dhe na bha comhla ruinn, ach fhuair sinne as gun fhios dhaibh. Agus o'n a bha moran dhe 'n oidhche air a dhol seachad, dhuineadh dorus an taigh-osda anns an robh sinn a' fuireach, agus cha robh fhios againn co 'n taobh air an tugamaid ar n-aghaidh. An uair a bha sinn a' dol seachad an t-sraid, chuala sinn an cridhealas a bh' agaibh an so, agus smaoinich sinn gu 'm bu choir dhuinn bualadh aig an dorus. Sin na bheil againn ri radh mu 'r timchioll fhein.”

An uair a chuala Sobaide so, bha i mar gu 'm biodh i eadar dha chomhairle ciod a theireadh i; oir bha amhrus aice nach robh na dh' innseadh dhi uile fior. Ach ghuidh na caladairean oirre gu 'n tugadh i a cheart fhabhar do 'n triuir mharsantan a thug i dhaibh fhein. Dh' aontaich i gu 'n deanadh i so. "Tha mi 'toirt mathanais dhuibh uile," ars ise, "air chumhnanta gu'n grad fhalbh sibh am mach as an taigh, agus gu'n gabh sibh bhur rogha rathad."

Labhair Sobaide na briathran so le guth a bha 'nochdadh gu 'm feumadh iad uile 'bhith umhail dhi, agus gun aon fhacal a radh, dh' fhalbh an righ 's an t-ard-chomhairleach 's an t-ard-chailleach 's an triuir chaladairean agus am portair am mach; oir bha iad air an clisgeadh roimh 'n t-seachdnar sheirbhiseach a bha 'nan seasamh 's an t-seomar le claidhean ruisgte 'nan lamhan.

An uair a chaidh iad am mach as an taigh 's a dhuineadh an dorus 'nan deigh, bhruidhinn an righ ris na caladairean (ach cha d' innis e co e), agus thuirt e, "a dhaoin-uaisle, a tha air ur-thighinn do 'n bhaile, co 'n taobh a tha 'n ur beachd a dhol, o nach eil an latha fhathast air soilleireachadh?"

"Cha 'n eil fhios againn air an t-saoghal, co 'n taobh air an toir sinn ar n-aghaidh," ars' iadsan. "Leanaibh sinne, agus bheir sinn a cunnart sibh." ars' an righ.

Thuirt an righ ann an cogar ris an ard-chomhairleach, "Thoir leat na daoine so comhla riut fhein, agus anns a' mhadainn am maireach thoir 'n am lathair-sa iad. Bheir mi fa near gu 'n sgrìobhair an eachdraidh aca ann an leabhraichean-eachdraidh na rioghachd; oir tha i anabarrach iongantach."

Thug an t-ard-chomhairleach leis an triuir chaladairean do 'n taigh aige fhein, chaidh am portair dhachaidh, agus thill an righ do 'n luchairt.

Ged a chaidh an righ do 'n leabaidh cha b' urrainn e norradh cadail a dheanamh, oir bha 'inntinn gu buileach troimh a cheile leis na nithean iongantach a chunnaic 's a chual' e. Ach os cionn gach ni bha toil mhor aige fios fhaotainn co i Sobaide, agus c'ar son a bha i 'gabhail air an da ghallaidh dhuibh, agus c'ar son a bha na h-atailtean air broilleach Aimini. Am feadh a bha e gu dluth a' smaointean air na nithean so thoisich an latha ri soilleireachadh. Dh' eirich e agus chaidh e do thalla-na-comhairle far am bu ghnath leis fhein 's do mhaithean na rioghachd a bhi coinneachadh a cheile.

Gun a bheag a dhail thainig an t-ard-

[TD 151]

[Vol. 6. No. 19. p. 7]

chomhairleach a steach, agus thug e urram do 'n righ mar bu ghnath

leis.

“Ard-chomhairlich,” ars’ an righ, “o nach eil moran gnothaich againn ri dheanamh aig an am so, bi grad fhalbh agus thoir an so na mnathan-uaisle agus na caladairean; oir cha bhi fois aig m’ inntinn gus an dean mi mion-rannsachadh mu thimchioll gach ni a chunnaic ’s a chuala sinn an raoir. Greas ort, cuimhnich gu ’m bi fadachd orm gus an till thu.”

O’n a bha fhios aig an ard-chomhairleach gu ’n robh an righ cas, crosda, ghreas e air, agus chaidh e far an robh na mnathan-uaisle. Dh’ innis e dhaibh gu ciuin, siobhalta gu ’n d’ fhuair e ordugh o’n righ an toirt ’na lathair, ach cha do leig e air gu ’n robh fhios aige air ni sam bith dhe na thachair ’s an taigh aca an oidhche roimhe sin.

Chuir an triuir mhnathan-uaisle, iad fhein ann an ordugh cho math ’s cho grin ’s a ghabhadh deanamh, agus dh’ fhalbh iad comhladh ris an ard-chomhairleach. An uair a bha e ’dol seachad air an taigh aige fhein thug e air an triuir chaladairean falbh comhladh ris. Aig a’ cheart am dh’ innis e dhaibh gu’ m faca iad an righ an oidhche roimhe sin, ged nach robh fhios aca air.

Bha ’n righ anabarrach toilichte an uair a chunnaic e cho ealamh ’s a thug an t-ard-chomhairleach na caladairean agus na mnathan-uaisle ’na lathair. A chum ordugh agus cleachdadh na duthchadh a chumail suas, chuireadh an triuir mhnathan-uaisle ann an seomar dluth air a righ, ach cha ’n fhaiceadh duine iad, agus cha mho a chitheadh iadsan duine dhe na bha cruinn comhladh ris an righ. Ach bha na caladairean ’na lathair agus bu mhath a b’ aithne dhaibh mar a ghluaiseadh iad iad-fhein an lathair an righ.

Thionndaidh an righ ’aghaidh air an aite anns an robh na mnathan-uaisle am falach agus thuirt e:—“A mhnathan-uaisle, an uair a dh’ innseas mi dhuibh gu ’n do chuir mi mi-fhein as aithne an raoir, agus gu ’n deachaidh mi do ’n taigh agaibh ann an riochd marsanta, tha fhios agam gu ’n gabh sibh eagal, agus gu’n saoil sibh gu ’n d’ thug sibh oilbheum dhomh. Is docha gu ’n saoil sibh gu ’n do chuir mi fios oirbh a chum dioghaltas a dheanamh oirbh. Ach na biodh eagal sam bith oirbh. Faodaidh sibh a bhi cinnteach gu ’n do dhichuimhnich mi gach ni a chaidh seachad, agus gu ’m bheil mi gle riarichte leis mar a ghiulain sibh sibh-fein. B’ fhearr leam gu ’n robh mnathan-uaisle Bhagdad gu leir cho glic, cho iomchuidh ’s cho faicleach ’s a bha sibh. Cha dichuimhnich mi gu brath cho foighidneach ’s a bha sibh ruinn an uair a bha sinne cho mi-iomchuidh ’nar gluasad. An uair ud bu mhise aon de mharsantan Mhosuil, ach a nis is mi Haroun Alrashid, an seachdamh glun o theaghlach ainmeil Abbais. Chuir mi fios oirbh a chum gu’ m faighinn am mach co sibh, agus a chum gu’ m faighinn am mach c’ar son a ghabh sibh air an da ghallaidh dhuibh, agus a ghuil sibh maille riutha. Agus tha toil agam fios fhaotainn mar an ceudna c’ar son a tha athailtean air broillach te dhibh.”

Ged a labhair an righ na briathran so cho follaiseach ’s gu ’n cluinneadh na mnathan-uaisle e, gidheadh, a chum cleachdadh an aite

'chumail suas, chaidh an t-ard-chomhairleach gu dorus an t-seomair anns an robh na mnathan-uaisle, agus dh' aithris e na briathran so facal air an fhacal dhaibh.

Fhreagair Sobaide, agus thuirt i, "A rìgh chumhachdaich, tha na bheil mi 'dol a dh' innseadh dhut, 'na naigheachd cho iongantach 's a chuala duine riamh. Is peathraichean dhomhsa an da ghalladh dhubh-clann m' athar 's mo mhathar; agus innsidh mi mar a thainig iad gu bhith air an cruth-atharrachadh. Is e leth-pheathraichean a th' anns an dithis mhnathan-uaisle a tha maille rium an so-clann a bha aig m' athair o mhnaoi eile. Is e Aimini is ainm do 'n te air am bheil na h-athailtean, is e ainm na te eile Saig, agus 's e m' ainm fhein, Sobaide. An deigh bas m' athar roinneadh gach ni a dh' fhag e, agus thugadh uiread is uiread do gach aon de 'n teaghlach. An uair a fhuair an dithis pheathraichean so an cuid fhein, chaidh iad a dh' fhuireach comhladh ri am mathair. Bha mo dhithis pheathraichean eile agus mise comhladh ri ar mathair fhein, oir bha i beo aig an am. An uair a dh' eug mo mhathair dh' fhag i da mhìle bonn oir agamsa 's aig gach te dhe m' dhithis pheathraichean. Beagan uine na dheigh so phos mo dhithis pheathraichean. Is mise a b' oige dhe 'n triuir. Beagan uine na dheigh sin reic am fear a bha posda ri mo phiuthar bu shinne a chuid de 'n t-saoghal, agus dh' fhalbh e fhein agus mo phiuthar gu ruige <eng>Africa<gai>, far an do chaith esan a chuid airgid fhein agus airgid mo pheathar ann am beatha struidheasach. Agus an uair a thainig e gu bochdainn thug e litir-dhealachaidh do m' phiuthair, agus chuir e air falbh i.

Thainig i do 'n bhaile so, agus bha i ann an suidheachadh cho bochd 's gu 'n cuireadh i truas air an neach cho cruaidh cridhe 's a th' anns an t-saoghal. Chuir i truas mor ormsa, agus ghabh mi rithe cho caoimhneil 's a b' urrainn a bhith; agus an uair a dh' fheoraich mi mu thimchioll mar a thainig i gu bochdainn, dh' innis i dhomh 's i gle thursach, gu'n robh a fear-posda anabarrach olc dhi mu'n do chuir e air falbh i. An uair a chuala mi mu'n triobhaid 's mu'n chruaidh-fhortan troimh 'n deachaidh i ghuil mi gu goirt. Chuir mi uimpe pairt dhe m' aodach fhein, agus thuirt mi rithe, "A phiuthar, tha thusa na 's sinne na mise, agus tha meas agam ort mar gu'm bu tu mo mhathair. O'n a dh' fhalbh thu shoirbhich Dia leamsa gu math. Faodaidh tu 'bhith cinnteach gu'm bi do chuid agad dhe gach ni a bhuineas dhomhsa a cheartcho math 's ged bu leat fhein e."

Bha sinn gle dhoigheil comhfhurtail ann an cuideachd a cheile fad iomadh mìos. Bha sinn gu math tric a' bruidhinn mu ar piuthar eile, agus bha ioghnadh oirnn nach robh sinn a cluinntinn guth no iomradh m' a deidhinn. Ach latha dhe na laithean thainig i, agus bha i cheart cho truagh coltas ri mo phiuthar bu shinne. Bha am fear a bha phosda rithe anabarrach olc dhi, agus b' eigin di 'fhagail. Ghabh mise rithe cho caoimhneil 's a ghaba mi ri mo phiuthar bu shinne. Thuirt mi rithe gu'm faigheadh i na dh' fhoghnadh dhi uamsa fad uile laithean a beatha.

(Ri leantuinn.)

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 152]

[Vol. 6. No. 19. p. 8]

Oran le Seann Sealgair.

Bheir sinn 'san t-Samhradh am monadh oirnn

'S theid sinn do'n ghleann againn fhìn,
Tillidh sinn fhathast 'sa gheamhradh
'Chumail nam Frangach o'n tìr.

Sud an gleann a tha fuarach
Cha 'n eil cho uaigneach 'san tìr,
Cha 'n fhaicear duine mu'n cuairt air
Ach na bodaich bhios 'cuartach na frìth.

Gheibh sinn ann eilid air uairibh
Bheir sinn daimh-ruadh às an fhrith,
Gheibh sinn ann greidh air gach fuaran
'S paiteas ri cualach de ni.

Gheibh sinn ann gobhair is caoraich,
'S bithidh againn crodh-laoigh air na glinn,
'G am bleoghan le nigheanagan cuamach-
Is binne na chuach an guth-cinn.

Gheibh sinn na cnothan 'san caorann,
Gheibh sinn ann braonan ni's leòir,
'S dearcán-fithich air fraoch-bheann
'S cha teid sinn 'n tràigh-mhaoraich ri 'r beò.

Gheibh sinn ann bradana taragheal,
A thig o'n fhairge na'n steal,
Le slataibh 's le moraibh 'gan ruagadh
Bu toigh le daoine'-uaisle bhi leinn.

'S coma leinn cur agus cliathadh,
'S cha treabh sinn am bliadhna le crann,
'S ann a bhios sinn 'sa mhaduinn ag iasgach
'S mu fheasgar a fiadhach nam beann.

Ged nach 'eil sguab anns an t-sabhul
Na caora, na gobhar, na meann,
'S ged nach eil beò ann ri bhleogan,
Bithidh dail ri cobhair nam beann.

'Nuair thig na gillean mu anmoch
'S a leagas iad eallaichean mu seach,
Cha chluinn thu aca do sheanachas
Ach mar a shealg iad mu seach-

"Am fac' thu mar thill an cù ruadh iad,
Am fac' thu mar bhuail an cù glas?
Thilg è a ladhran a suas air
Co ealamh 's a bhuaileadh an t-srad."

"Na 'm faiceadh tu mise 's Geoluath,
Air comhnard nam frith 'n so shios
Gun duine gun ghunna 'nar còir-ne
'Dheanadh còmhradh ach dìreach sinn fhìn.

“Cha dean mi innseachd na bhòsd dhe,
Chaidh mise na chroichdean gu fìor,
Chaidh ise gu h-ealamh na sgòrnan
Mu 'n d' fhuair sinn seòl air 'chur sìos.”

Comann Chloinn Ghilleathain.

LE SEUMAS MAC 'ILLEATHAIN.

Chaidh an t-òran a leanas a sgrìobhadh mu Chuir Bhliadhna a'
Chomuinn so ann an Talla mor baile Ghlaschu, mu 'n àm so 'n uiridh.

'Nuair bha mise òg gu'm b'e mo dhoigh,
'Bhi gòrach mar bha càch,
'Bhi ruith 's a leum 's a deanamh dhuan
Gus 'n d' fhuair mi ainm bhi 'm bhàrd;
'S ged tha mo cheann air fas cho liath,
'S mo chiabhagan cho bàn,
Gu 'n dean mi rann do 'n Chomunn ghrinn
Bha cruinn 's an talla àrd.

Nuair dh' fhosgladh na comhlachan,
Bha pìob ri ceòl gu h-àrd,
Gu 'n chruinnich sluagh na 'm miltean
'S mi fhìn mar fhear de'n phàirt,
'S gum faca mi sa chòmhlàn sin
<eng>Sir Fitzroy<gai>, fear mo ghràidh,
'S a shùil cho glan a soillseadh
Ri “daimon” am measg chàich.

B' e fhein an sàr dhuin'-uasal,
Bu tric thug buaidh 's na blàir,
'N am cluinntinn fead na luaidhe
'Se sheasadh cruaidh 's gach cas;
Ged tha e nis a fuireach
Ann an Lunnainn bhuain an dràs,
Bha shinnsearachd á Duart,
Ann am Muile nam beann àrd.

Ged dh' ainmich mi air Duart e
Cha 'n eil an siud ach pàirt-
Bha Mhorairne agus Bròlas,
Le còirichean tighinn dhà;
'S a liuthad gaisgeach dìleas
A rinn 's na glinn ud fàs,
Cho fad 's a bhiodh na cinn orra
Cha strìochdadh iad gu bràth.

'Nuair thòisicheadh do chuid ghillean
Ri tional bho gach aird,
A choinneachadh ri 'n ceann-cinnidh,
Bha cho miseal anns gach àit',
Bha moran dhiu o thaobh nam beann

A tìr nan glean 's nan sàr,
Cha dean mi di-chuimhn' air an dream
Bha ann bho "Chastlebar."

Bha onair agus siobhaltachd
A tigh'n mar dhìleab dha,
Gu 'n d' fhuair e cliù am feachd an rìgh,
'S ro bheag an t-ioghnadh e
Gur ann a bhuineas e do 'n t-sìol,
A chum bho 'n rioghachd tair,
'S gu 'n aimnichear air Cola e
Ged chaidh ar n-oighreachd fàs.

An tuath bha 'n sud gu 'n d' sgaoil iad
'S gun d' chaill gach raon a bhàth,
Cha 'n fhaicear ann ach caoirich,
'S rainneach 's fraoch ri fàs;
Bho 'n rinn na gaisgich falbh as
Do 'n Ghéirmeilt chaidh pairt,
Chaidh moran dhiu dh' America,
'S do Sidney fad thar sàil'.

Nis sguiridh mi de 'n òran so,
'S cha dean mi 'n corr a radh,
A chionn nach eil e sgrìobht' agam
Gu 'n di-chuimhnich sibh e,
Ged tha mi so an tìr nan Gall,
Comand agam air pàirt-
Gu 'm b' fhearr bhi ann am bothan fraoich,
'S bhi còmhnuidh taobh na traigh.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Tailliar.

SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>

Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.

ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 153]

[Vol. 6. No. 20. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 12 NOBHEMBER, 1897. No. 20.

Litir as a Ghaidhealtachd.

A MHIC-TALLA IONMHUINN,—Is fhad' o'n a chuala sibh fuaim mo ghutha, ach cha'n fhaod sibh a bhith smuainteachadh bho sin gu'n do dhi-chuimhnich mi sibh, 's mi nach do dhi-chuimhnich. Cha'n fhaca mi litir bho Thìr nam Beann 'nur paipear luachmhor o chionn tacain agus uime sin shaoil mi gu 'm bitheadh e freagarrach dhuibh beagan shreath fhaotainn a leigeil fhaicinn mar a tha cùisean a dol air aghaidh anns an dùthaich aig an àm seo.

'S a cheud àite a thaobh ar cànan fein. Thàinig a mach ainmean nan àiteachan sin a tha teagasg na Gàidhlig anns na sgoiltibh, anns an Naigheachd Ghaidhealach, agus tha mi cinnteach gu'm bi moran de ur luchd-leughaidh a bhitheadh toilichte fhaotainn a a mach c'àite a bheil na Gaidheil a còmhnuidh anns a Ghaidhealtachd agus c'àite nach 'eil. 'S iad seo ainmean nan sgoiltean far an deach ar cànan a theagasg air a bhliadhna seo.

Ann an siorrachd Earraghaidheal:—Sron-toilear (an Oban), Sgoil na h-Eaglais Catholaich (an Oban), Creich, Bunessan, Port na h-Abhuinn, Port an Eilein, Fanmòr, Frislaig, Hullepool, Cille Muire (Ardnamurchan), Corragmòr, Dalmhàilidh, Lochaluinn, Ruaig, Cille Chuain (Ardnamurchan), Baile Martainn, agus Sgarnish.

Ann an Siorrachd Inbhirnis:—Aldourie (Dores), Ceann-a’-ghuibhsaich, Drochaid Ruaidh (Lochabar), Drochaid Chlachach (Uidhist mu dheas), Sgaraista (na h-Earadh).

Ann an Siorrachd Pheairt:—Ceann Loch Raineach.

Ann an Siorrachd Chataobh:—Duirinis.

Tha mi toilicht’ a chluinntean gu’n do chuir na sgoiltean à leanas rompa a’ Ghàidhlig a theagasg do ’n chloinn ’sa bhliadhna seo tighinn.

Earraghaidheal:—Loch-nan-Eala, Ardchonnthuil. Ibhhirnis:—Carnaich (Cille Moraig), Paible (Uidhist mu Thuath), Cille-rìghbhaigh (Uidhist mu Dheas), Torrain (Srath). Siorr. Rois:—Barbhas (Leòghas).

Bha reic mhor o chionn ùine ghoirid air na seann rudan neònach aig Mr Iain Noble, nach maireann, am fear-reic-leabhraichean air Sràid a’ Chaisteil, Inbhirnis. Tha iad a deanamh dheth nach robh cùisean cho luachmhor an suilean Gaidheil a chaidh a reic ’san Taobh Tuath bitheanta roimhe. Cha deach na leabhraichean a dh’ fhag e sreic fhathast, ach bithidh iad sin air an cur fa sgaoil cuideachd an uine ghoirid.

Tha sìde gle bhochd againn o chionn fhada, ach bha trì no ceithir laithean grianail againn air an t-seachdain seo chaidh. Tha ’m buntàta gle ghann am bliadhna, agus an galar gle phailt, mar sin tha na prìsean an iomadh àite faisg air dubailt air na bha iad an uiridh. Tha na h-uibhean a reic anns na buithean ’san dùthaich aig 1s. 5d. an dusan, agus tha ’n t-aran 6d. an cairteal an siorrachd Pheairt, agus 7d. an Inbhirnis, agus sa’ chuid a’s mo de Shasuinn. Tha ’n t-ìm 1s. 2d. am punnd.

Chunnaic mi anns a’ phaipear o chionn tacain gu ’n do gheall na rathadan-iaruinn an Albainn a ghiulan bocsaichean le uibhean, measan, agus an leithid aig leth na cosdais a bha iad ag iarraidh gus a seo. Tha iad a deanamh dheth gu ’m bitheadh seo na chuideachadh mor do na daoine bochda, ach cha ’n eil fhios agam c’àite am faigh iad na daoine beartach no bochda idir ma theid na h-uachdaran air aghaidh a’ cur achadh ri achadh fo chaoirich agus feidh mar a tha iad a deanamh fhathast, cha bhi soirbheas, no airgiod, no toil, no rud sam bith ’sa Ghaidhealtachd gus an spionnar as na h-uachdaran mora uile gu leir, agus lagh air a chur air chois nach leig le duine sam bith tuilleadh air leth-cheud acair a bhith aige, no uiread acraichean is urrainn e fhein agus a theaghlach a chumail fo bhàrr.

A guidhe sonas agus soirbheachas gu MAC-TALLA. Is mise ur caraid,
CREAG-AN-FHITHICH.

Litir o’n Chuairtear.

A DHEAGH CHARAID,—Is iomadh car a chuir mi fhin 's an saoghal o'n sgrìobh mi ugrad mu dheireadh. Mar is math a tha fios agad fhéin, 's fìor thoigh leamsa, aig amannan àraid de 'n bhliadhna, deiseachan matha aodaich a chur air na fir, agus toirt air na mnathan pàigheadh air an son. Agus tha mise 'g innse dhuit gu feum duine bhi 'na dhùisg 'nuair a theid e cheannach clòimhe bho na cailleachan. Cha 'n eil greim a leth cho teann aig a' chlàimh air na caoraich 's a th' aig na cailleachan air a chlàimh. Chuala sinn mu fhoighidin Iob; bu mhath leam fhìn fhios a bhi agam am b' àbhaist do na cailleachan a bhi 'creic clòimhe 'san àm sin, agus an robh Iob 'ga ceannach uapa. Coma co-dhiu tha an samhradh seachad, agus cha 'n eil math a bhi 'cumail suas gamhlais. Bidh iad fhéin 's mi-fhin càirdeil gu leòr mu 'n ti; 's math leotha-san i bhi làidir, agus sin mar a chòrdas i riumsa.

Tha mi nise ann an ceann a tuath siorrachd Inbhirnis, a cur air chois loidsichean ùra do 'n I. O. G. T., agus a deanamh na 's urrainn domh gu mi-stuamachd fhògradh as an dùthaich. Fhuair mi air adhart gle mhath. Tha an dùthaich an so moran na 's briagha na tha ceann a deas an eilein. Cha 'n eil e ro ghlic dhomh a bhi 'g radh tuilleadh 'sa chòir mu mhaise na h-àirde tuatha, oir tha agam ri dhol do shiorrachd Richmond air an t-seachdain s'a tighinn; ach cha tuig Frangaich L'Ardoise agus <eng>St. Peter's<gai> Gailig, agus tha na Gaidheil ro-ghlic air son na their mi a ghabhail gu h-òlc.

Cha 'n eil mi 'smaoineachadh gu bheil cearna sam bith de 'n eilean cho briagha ris a' chearn a tuath. Leis na beanntan àrda, na srathan gorma, còmhnard, agus na glinn fhada, chaol, 's beag an t-ioghnadh ged a thogadh an dùthaich fonn nam bàrd, 's ged a bheireadh i orra bhi seinn òrain bhinn, cheòlmhor, mar a tha "Cnoic us glinn a' Bhràighe." Gu dearbh cha mhor nach d' rinn gach sealladh a fhuair mi air an dùthaich bàrd dhiom fhéin. Ach a chum 's gu'm bi fhios agaibh gu bheil nithean ann nach gabh deanamh, faodaidh mi innse dhuibh nach d' fhuair mi a' cheud cheathramh dhe m' òran a chur ri chéile fhathast. Cha dean dùthaich bhriagha no ni sam bith eile bàrd dhiomsa. Tha an t-àite so air àiteach le Gaidheil, Sasunnaich, agus Frangaich. Chuala mi grunnan de Fhrangaich a' bruidhinn an la roimhe, agus cha 'n eil mo chlaistneachd gu ro-mhath fhathast.

Ach 's fhearr dhomh beagan naigheachdan a thoirt dhuibh. Chaidh mathan a ghlacadh le sealgairean o chionn dha no trì sheachdainean air ais; thomhais e ceithir cheud punnd. Rinn an trap greim air a dha spòig, agus chum i greim air gus an d thainig na daoine 's 'n do chuir iad fras luaidhe ann. Cha teid am beothach bochd an còir na trap ud tuilleadh.

Bha dithis Eirionnach, nach fhaca carbad-iaruinn riamh, uair ann an dùthaich anns an robh na carbad a' ruith na h-uile latha. Aon oidhche 's iad a coiseachd thainig iad dh' ionnsuidh an rathaid, agus lean iad e. Mu mheadhon-oidhche, 's iad air fàs sgith le 'n turus, laidh iad sìos-fear air gach taobh dhe 'n rathad-'s chaidil iad. Cha robh iad ro-fhada 'nan cadal 'nuair a thainig an

(Air a leantuinn air taobh 156.)

[TD 154]

[Vol. 6. No. 20. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. XX.

An ceann uine na dheigh sin thuirt mo dhithis pheathraichean rium gu'n robh iad a' faicinn gu'n robh e tuilleadh is trom ormsa bhith 'g an cumail suas le cheile, agus air an aobhar sin, gu'n robh iad a smaointean gu'm b' fheaar dhaibh posadh a rithist. Thuirt mi riutha, ma 's ann air eagal gu'm biodh e trom ormsa an cumail suas a bha iad a' smaointean posadh, nach ruigeadh iad a leas a bhith smaointean air a leithid, agus gu 'm b' e am beatha fuireach comhladh rium; oir bha de shaoibhreas agam na chumadh suas sinn 'nar triuir cho comhfhurtail 's a dh' fhoghnadh dhuinn a reir ar suidheachadh. "Ach," arsa mise, "tha amhrus laidir agam gu'm bheil fìor thoil agaibh pòsadh a rithist; agus ma tha, gu dearbh tha e 'cur ioghnadh mor orm. An deigh an droch cheartas a fhuair sibh fhad 's a bha sibh posda, am bheil e comasach gu'm bheil de mhisnich agaibh na phosas an dara uair? Tha fhios agaibh gur ainneamh a gheibhear fear-posda a tha na fhìor dheadh dhuine. Gabhaibh mo chomhairle, agus fanaibh comhla rium fhein."

Ach a dh' aindeoin gach impidh a bha mi cur orra cha tugadh iad geill dhomh. Chuir iad rompa 'muigh 's a mach gu'm posadh iad, agus an uine gun bhith fada rinn iad e.

Mu'n d' thainig ceann na bliadhna an deis dhaibh posadh, thainig iad a rithist, agus dh' iarr iad mìle mathanas orm a chionn nach do ghabh iad mo chomhairle, "Is tu ar piuthar a's oige," ars' iadsan, "agus tha thu moran na 's glìce na sinne; ach ma ghabhas tu steach sinn aon uair eile, eadhon mar shearbhantan, tha sinn a' gealltain nach dean sinn olc ort gu brath tuilleadh." Thuirt mi, "Mo pheathraichean gaolach, cha d' thainig atharrachadh sam bith air m' inntinn-sa dha 'r taobh o'n a dhealaich sinn ri 'cheile mu dheireadh; thigibh air ais, agus gabhaibh bhur cuid dhe gach ni a bhuineas dhomhsa." An uair a thuirt mi so rug mi orra 'nam ghairdeanan agus phog mi iad. Agus bha sinn na dheigh sin a fuireach comhladh mar a bha sinn roimhe.

An uair a bha sinn mar so fad bliadhna comhladh, agus sinn cho ciuin 's cho caoimheil ri 'cheile 's a b' urrainn peathraichean a bhith; agus an uair a chunnaic mi gu'n robh mo stòras, le beannachd Dhe, air fas gu math mor, chuir mi romham gu'n gabhainn turus-cuain do na h-Innsibh a chum malairt a dheanamh. Chaidh mi fhein 's mo dhithis pheathraichean gu ruige Balsora, agus cheannaich mi long, agus an uair a luchdaich mi i leis a' bhathar a thug mi á Bagdad, sheol

sinn. Bha soirbheas gle fhabharrach againn fad fichead latha. An ceann na h-uine sin thog sinn fearann. B' e beinn anabarrach ard a bh' ann, agus chunnaic sinn gu 'n robh baile-mor ris a chladach aig bonn na beinne. O'n a thachair gu 'n robh smuid mhath air a' ghaoith cha robh sinn fada 'ruighinn na h-acarsaid. Cho luath 's a dh' acraich sinn chaidh mi gu tir gun fhuireach ri m' pheathraichean. Ghabh mi dìreach gu geata 'bhaile, agus chunnaic mi moran dhaoine mar gu'm biodh iad a' dìon a bhaile. Bha cuid dhiubh 'nan seasamh agus cuid nan suidhe, agus airm aca 'nan lamhan. Bha leithid de chruth uamhasach air an aghaidhean 's gu 'n do ghabh mi eagal mor. Ach thug mi 'n aire nach robh iad a gluasad no carachadh, agus ghabh mi misneach gus a dhol air m' aghart. An uair a chaidh mi na bu dluithe dhaibh chunnaic mi gu 'n robh iad uile air an tionndadh gu cloich. Chaidh mi steach do 'n bhaile, agus choisich mi troimh chaochladh shraidean, agus bha h-uile duine a bha mi 'faicinn air a thionndadh gu cloich. Bha 'n aireamh bu mho dhe na buithean duinte, agus far an robh iad fosgailte bha na daoine a bh' annta 'nan cloich. Thug mi suil os mo chionn ris na similearan, agus cha robh ceo a' dol am mach á fear dhiubh. Thug so orm a smaointean gu 'n robh muinntir a' bhaile gu leir air an tionndadh gu cloich.

Choisich mi air m' aghaidh troimh 'n bhaile gus an d' rainig mi cuirt mhor cheithir-chearnach a bh' ann an teis-meadhain a' bhaile. Sheall mi mu'n cuairt orm, agus chunnaic mi geata mor briagha air a chomhdach le or, agus e fosgailte. An uair a chaidh mi dluth dha thug mi 'n aire gu'n robh cuirteanan de shioda ro riomhach sgaoilte an taobh a staigh de'n gheata. Mar an ceudna bha cruisean laiste an crochadh os cionn a' gheata. An uair a bheachdaich mi gu math air an aitreimh mhoir so thuig mi gur e luchairt an rìgh a bh' ann; agus o'n a bha ioghnadh mor orm nach do thachair duine beo rium anns a bhaile, chaidh mi steach air a' gheata, ann an dochas gu 'n tachradh neach eiginn rium ris am bruidhninn. An uair a chaidh mi steach cha robh duine beo ri fhaicinn. Bha 'n luchd-gleidhidh 'nan seasamh fo'n cuid armaibh; ach bhà iad uile 'nan cloich. Choisich mi gu taigh anabarrach briagha bha fa m' chomhair, agus dh' aithnich mi gu'm b' e taigh-comhnuidh na ban-rìgh a bh' ann. Agus an uair a chaidh mi steach, cha robh duine beo ri 'fhaicinn anns an t-seomar. Ghabh mi air aghart o sheomar, gu seomar gus an d' rainig mi seomar a bha anabarrach briagha. Chunnaic mi a' bhan-rìgh 'na suidhe ann, agus crun oir air a ceann, agus griogagan daoimein m' a h-amhaich, agus a h-uile te dhiubh a cheart cho mor ri cno.

Sheas mi car uine far an robh mi, agus bheachdaich mi le tlachd 's le ioghnadh air gach ni a bh' anns an t-seomar. Cha 'n fhaca mi riamh seomar anns an robh innsreadh a leith cho briagha ris. Ged a thoisichinn ri innseadh gach ni a chunnaic mi anns an t-seomar cha b' urrainn dhomh cainnt a chur air.

An uair a chaidh mi 'mach as an t-seomar so, chaidh mi troimh chaochladh sheomraichean eile anns an robh innsreadh anabarrach maiseach. Mu dheireadh rainig mi seomar mor, farsuinn anns an robh cathair oir a bha gle ard, agus i air a deanamh maiseach le iomadh seorsa de neamhnaidean agus de chlachan luachmhor. Ghabh mi ioghnadh mor an uair a chunnaic mi an lannir a bha 'tighinn o mhullach na

cathrach. O'n a bha toil agam fios fhaotainn co as a bha 'n lainnir a' tighinn, chaidh mi suas air na ceuman staidhreach a bha dìreadh thun na cathrach, agus chunnaic mi daoimean a bha cho mor ri ugh <eng>ostrich<gai> air mullach na cathrach. Cha robh 'n smal no 'n sgaineadh bu lugha air, agus bha 'n lainnir a bh' as cho soilleir 's gu'n robh i an impis mo fhradharc a thoirt uam.

Bha coinnleir oir le coinneil cheireach laiste, ann air gach taobh dhe 'n chathair; ach cha robh mi 'tuigsinn ciod am feum a bh' orra o nach robh duine beo ri fhaicinn anns an taigh. Ach air a shon sin cha b' urrainn dhomh gun bhith 'smaoinntean gu'n robh neach eigin anns an taigh a chuireadh feum orra.

O'n a bha na dorsan uile fosgailte chaidh mi troimh iomadh seomar eile anns an robh moran ionmhais, agus chuir gach ni a chunnaic mi a leithid a dh' iognadh orm 's gun deachaidh an uine seachad gun fhios dhomh. Mu dheireadh thainig an oidhche. Thug mi ionnsuidh air tilleadh an taobh a thainig mi; ach cha b' urrainn domh amas air an rathad. An uair a chunnaic mi nach rachadh agam air faighinn am mach as an taigh, chuir mi romham gu 'n cuirinn an oidhche seachad anns an t-seomar anns an robh na coinnlean laiste. Chaidh mi steach ann agus leig mi mi-fhein 'nam shineadh air langsaid. Ach ged nach robh creutair beo ri 'fhaicinn anns an taigh, bha beagan eagail orm.

Mu mheadhain oidhche chuala mi guth duine mar gu 'm biodh e 'leughadh a Chorain. Thug so toileachadh mor dhomh, agus ghrad dh' eirich mi as an aite 's an robh mi 'nam shineadh, agus thug mi leam fear dhe na coinnlearan a bh' anns an t-seomar, agus chaidh mi a dh' ionnsuidh an t-seomair anns an robh mi cluinntinn a' ghutha. Sheas mi aig an dorus, agus leig mi an coinnleir air an urlar. Sheall mi steach air uinneig, agus thuig mi gur e seomar-aoraidh a bh' ann. Bha da chruisgean agus da choinneil laiste ann. Bha duine og, dreachar ann, agus e leughadh a' Chorain. Thug so toileachadh mor dhomh. Ghabh mi iognadh a chionn gu 'm b' e an aon duine beo a bh' anns a' bhaile, agus an sluagh eile gu leir air an tionndadh gu cloich.

O 'n a bha 'n dorus leth-fhosgailte chaidh mi steach, agus thog mi mo ghuth agus rinn, mi urnuigh mar so: "Moladh gu robh dhut a Dhe, a thug dhuinn an turus fabharrach, agus ma 's e do thoil e deonaich dhuinn do dhion agus do ghleidheadh gus an till sinn air ar n-ais do ar duthaich fhein. Eisd rium, O Thighearna, agus thoir dhomh freagairt."

[TD 155]

[Vol. 6. No. 20. p. 3]

Thionndaidh an duine og 'aghaidh rium agus thuirt e, "Mo dheadh bhean-ualas, tha mi 'guidhe ort innis dhomh co thu, agus ciod a chuir do 'n bhaile fhasail so thu? Mu ni thu so, innsidh mise dhut co mi-fhein, ciod a thachair dhomh, c'ar son a tha sluagh a' bhaile air an cur anns an staid anns am bheil thu 'g an faicinn, agus c'ar

son a tha mise 'nam onar beo, slan."

Ann am beagan fhacal dh' innis mi dha co as a thainig mi, c'ar son a thainig mi do 'n bhaile, agus gur e fichead latha 'thug an long air an rathad. An sin dh' iarr mi air innseadh dhonh ciod a b' aobhar gu'n robh sluagh a' bhaile gu leir, ach e fhein 'na onar air an tionndadh gu cloich; ni a chuir mor-ioghnadh orm.

"Mo dheadh bhean-uasal," ars' esan, "dean foighidin car tiotaidh." An uair a thuir e so dhuin a an Coran, agus phaisg e seachad gu curamach ann an aite tasgaidh e. Fhad 's a bha e 'deanamh so bha mi 'gabhail beachd air, agus thug mi an aire gu'n robh e 'na dhuine ro thlachdmhor ri 'fhaicinn, agus thuit mi ann an gaol air. Thug e orm suidhe laimh ris; agus mu'n do thoisich e ri labhairt rium, cha b' urrainn mi gun a radh ris ann an guth a bha 'nochdadh gu'n robh tlachd agam dheth, "A dhuin'-uasail thlachdmhoir, do 'm bheil gradh aig m' anam, is gann a tha dh' fhoighidin agam na dh' fheitheas ri fios fhaotainn mu thimchioll nan nithean iongantach a chunnaic mi o'n a thainig mi do 'n bhaile so; tha toil mhor agam fios fhaotainn mu 'n chuis gun dail sam bith. Innis dhomh gun dail ciod e 'mhiorbhuil leis am bheil thu fhein beo an uair a tha gach neach eile marbh."

"A bhaintighearna," ars' esan, tha mi 'g aithneachadh gu'm bheil eolas agad air an aon Dia bheo agus fhior; oir chuala mi thu 'g urnuigh ris. Innsidh mi dhut nithean iongantach mu thimchioll a mhorachd agus a chumhachd. B' e am baile so ceanna-bhaile na rioghachd aig m' athair. Bha m' athair agus sluagh na rioghachd gu leir 'nan draoidhean, agus bha iad a' deanamh aoraidh do 'n teine, agus do Nardoun, an righ a bha thairis air na famhairean a rinn ar-a-mach an aghaidh Dhe. Ged a bha m' athair 's mo mhathair 'nan luchd iodhol-aoraidh, bha mise air m' fhoghlum 'nam oige le aon aig an robh eolas air an Dia fhior. Dh' ionnsaich mi an Coran air mo theangaidh, agus thuig mi gach mineachadh a chaidh a sgrìobhadh air. Air an doigh so fhuair mi eolas air an aon Dia bheo agus fhior an uair a bha mi gle og. Agus an uair a thainig mi gu aois, thuig mi gu lan mhath nach eil Dia eile ann ach e, agus gur e gliocas agus dleasdanas gach duine aoradh is umhlachd a thoirt dha."

(Ri leantuinn.)

'Nuair a tha càraid a pòsadh ann an Iapan, cha 'n eil aca ri dheanamh ach cupa ti òl cuideachd agus tha 'n snaim ceangailte. Agus tha 'm pòsadh an uair sin a cheart cho seasmhach 'sa tha e anns an dùthaich so.

A' Ghaidhlig.

Tha iomadh linn 'us bliadhna 'nis o'n thoisich daoine 'bhi 'g radh gu robh canain nan Gaidheal air leabaidh a bais, agus gu bitheadh i ann an uine ghearr ann an tir na di-chuimhne 's na samhchaire. Tha Uilleam Mac Seathunn <eng>(Shaw), <gai> a sgrìobh a' cheud gramar

Gaidhlig, ag radh anns an Roimh-radh, nach robh, ma dh' fhaoidte, ceithir daoine ann an Albuinn a sgrìobhadh Gaidhlig anns an aon doigh do bhrìgh gu robh gach sgoilear 'us ministear a' leantuinn a thoil mhath fein, agus nach robh e 'toirt geill no umhlachd do reachd ceart no pongail air bith. Tha e 'g radh gu muladach, gu robh na ministeirean, ged bha iad ealanta 's sgileil air iomadh doigh eile, caoin-shuarach mu na Ghaidhlig, agus mar so, nach robh coig ministeirean anns an dùthaich gu leir, d' am b' abhaist an searmoinean a sgrìobhadh ann an Gaidhlig no 'nan canain fein. Is e sgeula tiamhaidh agus fìor-mhuladach, a tha aig Mac Seathunn ri innseadh, bho cheann corr maith 'us ceud bliadhna. Thubhairt caraid nan Gaidheal, Tormoid Mac Leoid, ann an Leabhar nan Cnoc, anns a' bhliadhna 1832: "Na creidibh iadsan a tha 'g radh gu bheil a' Ghaidhlig air leabaidh a bais. Tha i co slàn, laidir, urail, agus a cuisle co fallain 's a bha i riamh; agus ged thachradh e gum biodh i air a fogradh a h-Albuinn am maireach, tha farsuingeachd agus fàsghadh a' feitheamh oirre taobh thall do 'n chuan mhor, far am bheil cheana na miltean d'a muirichinn fein, a dh' fhailtichheadh agus a dh' altrumaicheadh i le solas." Tha e soilleir gu leoir gur e Canada gu sonruichte 'bha am beachd a' Ghaidheil ghasda, dhìleis, a sgrìobh na briathran ud, agus a nochd dochas co seasmhach agus co teoma. Is maith a tha fios aig MAC-TALLA gu d' fhuair a' Ghaidhlig aoidheachd ghrinn, fhaoilidh, fharsuing ann an Canada, 'us gu d' eirich anns an dùthaich uir so iomadh ceatharnach a bha 's a tha fìor-mheasail air a Ghaidhlig, agus ùr-labhrach agus luath-shiubhlach ann am feum gleusda 'dheanamh de 'n canain a bha fileanta, muirneach, 'us aighearach ann an Seallama 'n uair a bha Fionn 'us Oisein 'us laoich eile na Feinne beo, meamnach, agus togarrach. Tha Donnachadh Ban Mac-an-t-Saoir ag radh gu fìrinneach:

Bu mhor am beud gu 'm basaicheadh
A' chanain a's fearr buaidh,
'S i's treis thoirt greis air abhachd,
'S a h-uile ait 'n teid a luaigh.
'S i 's fearr gu abhar-ghaire,
'S i 's binne, blaithe fuaim,
'S i ceol nam piob 's nam clarsach,
Luchd-dhan 'us dheanamh dhuan,

Tha 'Ghaidhlig beo, lughmhor, fathast, agus tha iomadh bard 'us sgoilear easgaidh, a' deanamh dìchioll duineil, airson a feartan 'us a buaidhean a chuir ann an uidheam nì 's fearr na rinneadh riamh roimhe. Ma tha grian na Gaidhlig a' tearnadh gu 'leabaidh anns an iar, tha cairdean lionmhor, eudmhor, blath-chridheach aice a dhearbhas le 'n treise 's le 'n durachd, nach ann do bhrìgh nach robh cairdean daimheil comasach aice, a fhuair i bas, ma gheibh i bas, agus cha 'n fhaigh i bas, re iomadh latha 's gealach fhathast. Tha gramair an deigh gramair 'g a thaisbeanadh fein, agus a' deanamh luaidh air na doighean pongail ceart anns an coir do 'n Ghaidhlig a bhi air a labhairt agus air a sgrìobhadh. Tha e 'nis gle fhurasda do gach Gaidheal eolas iomchuidh fhaotuinn air gach beus 'us boidhichead a bhuineas d'a chanain, ann an coimeas ri canainean aosmhor, iongantach an t-saoghail. Chuir Donnachadh Reid, a tha 'teagasg na Gaidhlig ann an sgoil-ard Ghlascho, gramair beag,

pongail, a mach bho cheann ghoirid. Chuir an lighiche Mac Ill-iosa-an Gaidheal dileas smiorail, ann am baile mor Lunnainn-an ordugh gramar Gaidhlig eile. Lean e gu dluth gramar an Ollaimh Alasdair Stiubhart; sgoilear co ealanta, agus Gaidheal co aillidh, mor-chuiseach, 's a thog a Ghaidhealtachd riamh. Cha 'n eil a' Ghaidhlig gun chairdean laghach, lamhach, sgileil, ann am baile mor an t-saoghail. Tha Mac Ill-iosa airidh air cliu 's onoir, oir rinn e agus tha e 'deanamh, saothrach mhaith, luachmhoir, am measg nan Sasunnach, as leth canain 'us abhaistean nan Gaidheal. Tha tlachd aig MAC-TALLA 'bhi 'g innseadh daonnan gu bheil ar canain a' faotuinn meas 'us miagh a tha fìor-thaitneach ann an Lunnainn fein.

Tha laoidhean milis, crabhach, air an seinn a nis gu durachdach, ait, anns gach eaglais. Chaidh laoidhean agus dain spioradail a dheasachadh leis an urramach Gilleasbuig Mac Caluim. Is maith agus is ro-mhaith curamach agus teoma a dh' eadar-theangaich sgoilearan beusach, tapaidh, na laoidhean agus na dain a tha air an cur le cheile ann an leabhar dealbhach, agus a tha 'nochdadh cia co oirdheirc 's a tha ar canain airson moladh a thabhairt do Dhia, 's cia co foghlumte, geur-inntinneach 'us crabhach, 's a tha moran de na Gaidheil. Carson nach seinneadh na Gaidheil na laoidhean 'us na dain so anns an eideadh ghrinn, Ghaidhealach a tha iad a nis a giulan, ann an aoradh an Tighearna far am bheil na Gaidheil cruinn agus Gaidhlig air a searmonachadh?

Ann an Albuinn, a bhos us thall, an sud agus an so, tha comunn ag eiridh gu tric, agus tha buill a chomuinn a deanamh, mar a rinn moran diu cheana, dichioll 'us oidheirp onorach, ann a bhi 'trusadh agus a' cur ann an eideadh taitneach, duain 'us orain nam bard a bhuineadh do 'n choimhearsnachd aca fein anns na laithean a bha 's a dh' aom. Ni mi iomradh, ma dh' fhaoidte, ann am MAC-TALLA fathast, air na gnìomharan caoimhneil a tha iomadh comunn a' deanamh. Mur bitheadh aig a' Ghaidhlig neart 'us beatha 's aghartachd nach eil aon chuid gann no faoin, cha bhitheadh feachd gaisgeil, dichiollach, de chairdean glic, curanta, aice am measg a cloinne fein. Thugadh gach Gaidheal ann an Canada aoidheachd agus cuideachadh fiughanta, toileach, agus saibhir do MHAC-TALLA.

CONA.

[TD 156]

[Vol. 6. No. 20. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 12 NOBHMBER, 1897.

(Air a leantuinn o thaobh 153.)

t-each-iaruinn, agus dhùisg am fuaim fear de na h-Eirionnaich. A leithid sid cha chual' e riamh; fuaim chuidhlichean, an fhideag a' séideadh, an smùid 's na sradagan; cha robh fhios aige gu de bu chiall daibh, agus chuir an t-eagal 'na leithid de bhreislich e 's gu robh an t-each-iaruinn, le riadh de charbadan na dheigh, air a dhol seachad mu 'n do smaoinich e air a bhràthair. An sin ruith e null far an robh e, ag eigheach, "Duisg! Duisg!" "Ge de tha cearr a Phadruig?" arsa bhràthair. "'S iomadh rud sin," arsa Pàdrùig; "tha iad a' cur an droch-àite air imrich, agus tha cheud lòd dheth dìreach air a dhol seachad." Sin an obair a thatar a deanamh aig Acarsaid Mhargaree an dràsda; thatar a cur na droch obair air imrich agus chaidh a cheud lòd a chur gu Hogamah Di-ciaduin s'a chaidh-da fhear-creic deoch làidir. 'S iad minister agus sagart na h-Acarsaid a chuir mu dheobhainn a' ghnothuich, agus rinn iad gu math e. Chaidh càin ceud dolair a phàigheadh leis na ciontaich, ach cha toir sin idir air ais beatha mac na bantraiche bochda a rinn an stuth a bha iad a' creic a bhàthadh ann an Amhuinn Mhargaree toiseach an fhoghair.

AN CUAIRTEAR.

(Ri leantuinn.)

LUINNEAGAN LUAINNACH.—Fhuair sinn an leabhar so á Lunnainn o chionn ghoirid. 'Se 's ùghdar dha an Lighiche Iain Mac Griogar a tha 'na Iar-Chòirneal anns an arm Bhreatunnach, agus a tha 'n deigh cuairt a chur air roinn mhor de'n t-saoghal. A' siubhal ann an tìribh céin, thòisich an Leodhasach gasda ri bàrdachd air son cànan a dhùthcha a chumail 'na chuimhne, agus rinn e àireamh mhath òran. Tha an leabhar gle thlachdmhor, agus bheir sinn cunntas na's miona na so air fhathast. Gheibhear aon de na h-orain a th' ann gar taobh eile dhe'n phaipear so.

Chaidh mort gràineil a dheanamh ann an Rawdon, an Cuibeic, Dior-daoine air an t-seachdain s'a chaidh. Bha triùir pheathraichean agus bràthair air am mort gu brùideil le 'm bràthair bu shine, Tomas

Nulty. Bha am pàrantan air falbh o'n tigh aig an àm, agus tha e coltach gu 'n deachaidh Tom agus an te bu shine dhe pheathraichean bhar a chéile, agus gu 'n do mharbh e le tuaigh i anns an t-sabhal. Chaidh an darra te a chuideachadh a peathar agus mharbh e ise cuideachd, 's an sin chaidh e do 'n tigh 's chuir e crìoch air a phiuthar a b' òige 's air a bhràthair, a bha feuchainn ri iad-fhéin fhalach air. Dh' aidich e a chionta do 'n mhaor an deigh a ghlacadh. Bha an teaghlach, uile a reir sgeòil, de ghnè shuarach, bhrùideil, agus gun a bhi moran na b' fhearr na na beothaichean. Cha do chuir an gnìomh oillteil gruaman mor sam bith air na pàrantan. Bha na h-igheanan a chaidh a mhort 18, 16, agus 14 bliadhna dh' aois, agus an gille 9 bliadhna. Tha am mortair bliadhn' air fhichead.

Ann an Orangedale, feasgar Di mairt s'a chaidh, an deigh tinneas fada, chaochail Alasdair D. Mac Neill, air an robh moran d'ar leughadairean gle eòlach agus air an robh mor mheas aig na h-uile d'am b'aithne e. Bha e 'na dheagh sgoilear, agus bha e dol d'an cholaiste ann an Kingston air son na ministeirealachd 'nuair a thòisich a thinneas. Bha e na dheagh bhàrd, agus dh' fhàg e moran bàrdachd sgrìobhte a tha sinn an dòchas a bhios an ùine ghoirid air a chur an clò. Mu thoiseach na bliadhna so chuireadh a mach leabhran beag de chuid bàrdachd a choisinn deagh ainm dha. Dh' fhuiling e moran tinneis o chionn còrr us bliadhna air ais, ach tha e nis anns an Dachaidh Bhuan air son an robh e ullachte, agus far nach cuir tinneas no cràdh dragh air na's mò. Chaidh a thoirt air falbh ann làithean òige; cha robh e ach eadar seachd us ochd bliadhna fichead a dh' aois.

Chaidh tigh le fear Tulloch, faisg air <eng>Cole Harbor,<gai> mu dha mhìle mach á <eng>Dartmouth, N. S.,<gai> 'na theine oidhche Di-satharna s'a chaidh. Bha sianar anns an tigh aig an àm, agus iad uile 'nan cadal. Dhùisg bean an taighe 'nuair a bha 'n teine air faotainn air adhart gu math, agus thug i rabhadh do chach. Fhuair ceathrar dhiubh a mach, ach bha <eng>Maria Walker,<gai> piuthar do bhean an taighe, agus pàisde beag, aois thri mìosan, air an losgadh gu bàs. Ghoirticheadh Tulloch agus a bhean gu dona; cha bhi <eng>Tulloch<gai> fhéin air chothrom gluasaid gu ceann àireamh mhiosan.

Tha Uilleam Buchanan, mac do'n t-Siorram Buchanan, am measg a sheann chairdean anns a' bhaile so o chionn mìos. Tha e fhéin 'sa theaghlach, a bha so a chuid bu mho dhe'n t-samhradh, an dùil falbh Di-màirt s'a tigh'nn. Tha Mr. Buchanan ag obair an oifis clo-bhualaidh an <eng>Free Press<gai> ann am baile Winnipeg o chionn choig bliadhn' deug. Tha a bhràthair Ruairidh ag obair anns an oifis cheudna o chionn naodh bliadhn' deug.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,

ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

Tha sin a gleidheadh so do
C. P. MOORE,
SIDNI, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Soithichean Dinnearach, Soithichean Ti, Soithichean Seomar,
Soithichean Creadha dhe gach seor sa, SAOR.

Caiseart dhe gach seorsa, Brogan Botainnean, Rubbers, &c., &c. Iad uile math 's na prisean ceart.

Amhlan, Flur, Min, Ti, Siucar, Siabunn, Molasses, Olla, Mart fheoil, Muc-fheoil, Sgadan. A seorsa 's fhearr.

Fiodh, Buird, Laths, Clachan creadha, Aol, agus iomadh ni eile air am bi feum an am togail thaighean.

<eng>C. H. Harrington & Co.<gai>
Sidni, C. B.

H. D. MAC ILLE-MHAOIL,
<eng>NYANZA, C. B.<gai>

THA e creic CLOTH, DROGAID, agus PLAIDEACHAN "EUREKA" air a cheart phris air am beilear 'g an creic aig na muillin.

Tha Factoridh Eureka air aon de'n fheadhain a's fhearr an Canada. Choisinn na Plaideachan a thatar a' deanamh innte DUAIS AIRGEID aig Exhabition Chanada da uair.

Chreic e an uiridh fiach cheithir cheud deug dolair (\$1400.00) dhe na h-aodaichean so an coinneamh Clòimhe, agus tha dùil aige barrachd air sin a chreic am bliadhna.

Tha luchd-gnothuich <eng>(agents)<gai> aige mar a leanas:—Ann an Siorrachd Inbhirnis, Niall Mac Ille-mhaoil, aig Loch Ainslie, agus D. D. MacFhionghain, Taillear,) an Orangedale; an Siorrachd Cheap Breatunn, Tearlach E. Clark, aig <eng>Cross Roads Leitche's Creek.<gai> Tha mu dheichair fhichead sampull aodaich aca, agus theid aca air seòrsa sam bith a thoirt dhuit ochd latha 'n deigh a chlàimh chur air falbh. Am bheil iad math? THIG AGUS FAIC.

[TD 157]

[Vol. 6. No. 20. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha ceithir siorrachdan ann an Cuibeic a tha gun fhear-parlamaid aig an àm so. Tha taghadh gu bhi aca am màireach.

Chaidh càin a chur air fear Johnston, ann an <eng>New Brunswick<gai> air an t-seachdain so air son mart <eng>moose<gai> a mharbhadh. Tha aige ri ceud dolair a phàigheadh, air neo trì mìosan a chur seachad anns a' phrìosan.

Tha e car iongantach gu bheil na tuathanaich ann an Eilean a' Phrionnsa a' fhaotainn 28c am buiseal air a bhuntàta, agus gu robh soitheach ann an Sidni air an t-seachdain s'a chaidh 'ga chreic air 25c am buiseal. Ach tha e fìor gu leòr.

Tha uisge mòr air tuiteam o chionn deich no dusan latha. Roimhe sin bha tiormachd mhòr ann, agus bha an talamh gle fheumach air an uisge. Tha an t-side fuireach gle bhriagha; cha'n eil fìor mhoran de choltas a gheamhraidh oirre fhathast.

Tha 'n talla ùr a thatar a togail do Chomunn nan Daoine Oga ri bhi air a fosgladh Di-luain s'a tighinn. Tha e 'na thogalach briagha a tha cur maise air a' chuid sin de 'n bhaile anns a bheil e. 'S fhiach e 'nuair bhios e ullamh mu shia mìle dolair.

Thatar a' meas gu'n dòirt mu dha cheud mìle sluaigh do'n Chlondaic toiseach an earraich. Ma tha sin fìor, faodaidh an còrr de'n chinne-dhaonna fuireach aig an taighean. Cho math 's gu bheil an Clondaic, bheir da cheud mìle duine an droch ruith air.

Tha caraid an Eilean a' Phrionnsa ag innse gu robh an t-side anabarrach briagha ann an sin air a mhìos <eng>October<gai>, cho briagha 's nach eil cuimhn' aig na daoine 's sine tha 'san dùthaich air a leithid fhaicinn. Bha am buntata car gann am bliadhna, ach thatar a' faotainn pris mhath air, 28c am buiseal, pris a tha fad air thoiseach air pris na bliadhna 'n uiridh. Tha e 'g radh cuideachd gu bheil sgadan beag, reamhar, gle phailt ann an cuid de na h-aibhnichean, agus gu bheil na h-iasgairean gu trang 'g an glacadh air son a gheamhraidh.

Tha eaglais St. Andrew's a nise uallamh, agus tha i ri bhi air a fosgladh la na Sàbaid s'a tighinn. Searmonaichidh an t-Urr Mr. T. Jack, á Sidni Tuath innte 'sa mhaduinn ann am Beurla, agus an t-Urr. Mr. Forbes ann an Gailig; cha 'n eil fhios fhathast co bhios air ceann na seirbheis 's an oidhche. Bi'dh an t-Urr. Mr. Gale a' searmonachadh innte oidhche Di-luain, aig leth-uair an deigh seachd. Tha an eaglais, o'n chaidh a meudachadh, ag amharc gle mhath. Bha an obair air a sàr dheanamh, agus bidh comhfhurtachd aig a choithional innte nach robh aca roimhe.

Bha cruinneachadh aig òigridh Orangedale agus taobh deas Amhuinn Dhennis ann an tigh-sgoile Amhuinn Dhennis air oidhche Di-luain, a cheud latha de 'n mhios so. Bha òrain, ceòl agus leughaidhean aca, agus chuireadh am feasgar seachad gu toilichte. Bha na h-òrain 's na leughaidhean ann an Gàilig 's am Beurla, agus bha iadsan a thainig 'g an éisdeachd gle riaraichte leatha. Bha ceòl fidhle air a thoirt seachad le Padruig Mac Gill-fhaollain, á Orangedale. Aig a' cho-dhùnadh labhair an t-Urr. Iain Ròs, ministear a pharaiste, agus Domhnall Domhnallach, á Beinn a Mharmoir, a bha 'sa chathair. Chuireadh suim mhath airgeid cruinn, agus chaidh a thoirt mar ghibht do Niall Domhnallach, a tha dhith a fhradhairc o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean. Chuala leughadairean MHIC-TALLA bho Niall Domhnallach roimhe so, agus tha dochas againn gu 'n cluinn iad uaithe fhathast. 'S math an doigh a ghabh iad air an t-Samhuinn a chumail, agus tha sinn' gle thoilichte gu 'n d' thug iad a h-urram fhéin do 'n Ghàilig.

Chaidh soitheach-seòlaidh a ghlacadh air Amhuinn <eng>St. Lawrence<gai> air an t-seachdain s'a chaidh air an robh fiach ceithir mìle dolair de stuth làidir a bh' air a smugladh.

Chuir mèinneadairean na Mèinne Tuatha ceithir cheud 's seachd dolair dheug air fhichead (\$437) cruinn air son cuideachadh le muinntir Windsor. Tha sin na 's fhearr na rinn mèinn sam bith eile, ged a rinn càch uile an cuid fhéin gu math.

Cha d' fhuair eadhon sgeul fhathast air <eng>Mr. Anslow<gai> a chaidh air chall ann an <eng>Newcastle, N. B.,<gai> o chionn dha no trì sheachdainean air ais. Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil e beò, ach tha cuid de chàirdean nach d' thug suas an dùil fhathast.

Di-màirt s'a tighinn bidh an t-Urr. M. A. Mac-a-Phearsain, sagart a Bhras d' Oir Bhig, air a bhi anns a' pharaiste sin coig bliadhna fichead. Tha muinntir a' pharaiste agus a chàirdean eile a tha lionmhor a' dol a chumail an latha air dòigh a nochdas do 'n uasal urramach an deagh dhùrachd dha.

Chaidh an stor anns an robh Tearlach Mac Leòid ri ceannachd ann an <eng>Glace Bay,<gai> 'na teine oidhche Di-haoine air an t-seachdain s'a chaidh. Chaidh an teine chasg ach bha e 'n deigh call nach bu bheag a dheanamh. Chaill Mr. Mac Leoid 'na leabhraichean, agus nithean eile a chuireas a bhi 'g an dith call mor air.

Thainig tuathanach ann an <eng>New Brunswick<gai> dhachaidh an oidhche roimhe 'san daorach air. Fhuair e sgian agus mharbh e muc mhor bhriagha bh'aige, 's an sin ghearr e sgòrnain an eich 'sa choin. Bha an t-each anabarrach measail aige. Anns a' mhaduinn 'nuair a chunnaic e an obair a rinn e, thug e mhionnan gu'n sguireadh e dhe 'n òl gu buileach.

Tha Iain D. Rockefeller, duine beairteach, fialuidh, a th' ann an <eng>New York<gai>, a tairgse coig mìle deug dolair do Oil-thigh Acadia, ann a' <eng>Wolfville, N. S.,<gai> air chumhnant gu'n cuir

càirdean an Oil-thigh iad fhéin cruinn tri fichead míle dolair romh
thoiseach Nobhember 1898. Tha <eng>Mr. Rockefeller<gai> 'na dhuine a
tha deanamh feum mor leis an t-saoibhreas a tha fo 'laimh.

'Se duine ainneamh a dhiùltas airgead no beairteas 'nuair a bhios e
'na thairgse, ach tha fear dhe 'n t-seòrsa sin an dràsda ann an
<eng>New York.<gai> Thainig dileab is fhiach deich míle fichead
dolair air, ach ged nach eil de theachd-an-tir aige ach na ni e air
an obair-latha, tha e 'cur roimhe nach gabh e gnothuch ris. Tha e
riaraichte gu leòr leis an t-suidheachadh anns am bheil e.

Iadsan a Phaigh.

An t-Urr. I. C. Mac Ille-mhaoil, D.D., <eng>Cardigan,<gai> E. P. I.
Calum Mac Gill-fhaollain, <eng>St. Georges,<gai> E. P. I.
Domhnull Mac Gill-fhaollain, <eng>St. Georges,<gai> E. P. I.
Aonghas Mac Gill-fhaollain, <eng>St. Georges,<gai> E. P. I.
M. D. Domhnullach, <eng>St. Georges,<gai> E. P. I.
Donnachadh Mac Coinnich Amhuinn Mhitchell, E. P. I.
Uisdean A. Mac Ille-mhaoil, <eng>South Finch, Ont.<gai>
Aonghas Mac Fhionghain, <eng>Skye P. O.<gai>
Bean Eachuinn Dhughlaich, <eng>Exeter, N. H.<gai>
Raonailt Dhomhnullach, <eng>Exeter, N. H.<gai>
Iain N. Peutan, <eng>Cleelum, Wash.<gai>
Domhnull Mac Coinnich, Glaschu, Alba.
Eachunn Mac Gilleain, <eng>Bridgetown, N. S.<gai>
Micheil L. Mac Fhionghain, <eng>Lakevale, C. B.<gai>
Micheil I. Mac Ille-mhaoil, cul Cobh a Bheabheir.
Domhnull M. Mac Neill, Eilean <eng>Christmas.<gai> \$1.50
Tormad D. Mac Neill, Benacadie. \$1.50
Domhnull Martuinn, <eng>Orangedale,<gai> 35c
Ioseph S. Mac-a-Phi, Pòn Mor. 25c
M. R. Mac Aonghais, <eng>Amaguadus Pond. 25c.<gai>
Iain Mac Gill-fhinnein, <eng>Port Morien.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, -- C. B.

BADDECK, -- C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

BATHAR UR.
Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.
Brogan matha saor.
Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

[TD 158]

[Vol. 6. No. 20. p. 6]

An Mod Gaedhealach.

(Irisleabhar na Gaedhilge.)

An cuigeadh lá deug de mhi Mheadhóin an Fhogmhair tionóladh an
seiseadh Mód i n-Inbhear Nis. B'é sin an cheud uair thainig luchd
cosanta na Gaedhilge i nEirinn agus i nAlbain d'aon láthair os
comhair na coitcheanntachta. Do chuir Connradh na Gaedhilge Padraig
Mac Cathmhaoil, an leabhróir, agus Eoin Mac Neill, fear eagair an
Irisleabhair seo, ar an teachdaireachd so go hAlbain. Do cuireadh
fós ann E. E. Fournier mar theachdaire ó 'n bhFeis Ceoil. Do
cuireadh ó n-a Breatnachaibh a mbàrd féin, J. T. H. Thomas.

Tosuireadh obair an Mhód 'san Halla Ceoil ar a deich a chlog ar
maidin. Is é ba cheannphort do'n choimhthionól Tearlach Mac-an-
Tóisich, LL. D., árd-uachdarán an chumainn Ghaedhealaigh. Tar a éis
do an óráid tionnsganta do thabhairt, do ghlaoidh sé ar na

teachdairibh. Do léigheadar so na dileagartha thugadar leo, agus rinne gach fear beagán cainte uaidh féin. Gaedhilg do bhi ins an dá dhileagra ó Eirinn, mar ba dhual. Ni'l dileagra na Feise Ceoil ar láimh againn. Dá mbiodh do chuirfimis i gclo go toileamhail é. Is é seo dileagra Connartha na Gaedhilge mar leanas:-

DILEAGRA

DO LUCHD RIARTHA AN MHOID GHAEDHEALAIGH O LUCHD RIARTHA CONNARTHA NA GAEDHILGE AGUS AN OIREACHDAIS I N-EIRINN.

Ma ta dhá chineadh ar dhruim an domhain d'ar còir cáirdeas agus ceangal dlùth bheith eatorra, is iad Gaedhil na h-Eireann agus Gaedhil na hAlban.

Dá n-abradh neach an meud sin sa' triomhadh ceud bliadhna roimhe seo, chuirfeadh an ràdh iongantas mor air na daoineibh go léir. Budh chuma é, dar leo, no a rádh gur chòir do chloinn an aon mhàthar bheith ceanamhail ar a chéile.

Ni he sin e amhain, acht is cóir dhuinn aon rùn agus aon intinn amhain do bheith againn leith ar leith i dtaobh na neithe bhaineas leis an da chraoibh mhora so de "Chineadh Scuit" go coitcheann.

O'n cheud là cuireadh rioghachd na hAlban ar bun, anuas go dti dha cheud bliadhan o shoin, ni raibh cineadh sa' domhan chomh teann meanmnach àrd-aigeanta muinighneach asta féin leis an gcineadh Ghaedhealach. D'a chomhartha sin féin, ni raibh aon chineadh is mo chuir spéis agus suim ina dteangaidh na ina litridheachd na iad. Ni raibh 'san Eoraip teanga na litridheachd fuair oiread de chùram agus de chothughadh agus de chaon-duthrachd o n-a haos dàna fein le teangaidh agus litridheachd na nGaedheal ar feadh na haimsire sin.

Acht is corrach an nidh an saoghal so. Thionntuigh an roth, agus na daoine agus an teanga bhi le ceudtaibh bliadhan fa airdchéim agus fa anòir, thuiteadar anuas go faon, agus fagadh le haimsir fhada fa smàl agus fa dhearmad iad.

Ta an roth ag gabhail timcheall aris. "Thainig anam i nEirinn." Ta an smaoineadh so ag dul i meud agus i dtreise ag muintir na hEireann o lo go lo, gur mòr an naire dhòibh, mur dtugaidh siad gan mhoill fa n-a gclù féin, a n-ainm, a dteanga, a litridheachd, a gceol, agus gach nid eile bhi fa mheas ag a sinsearaibh, do chosaint agus do choimhead ar bhàs agus ar bhaoghal go deo.

'Sa teangaidh dhuthchais is eadh mhaireas anam an chinidh. Ma cailltear an teanga, cailltear an t-anam.

Buidheachas mor le Dia, ta an teanga Ghaedhealach chomh beo brioghmhar againn i nEirinn as bhi si riamh. Thréig a làn i, acht nior tréigeadh ar fad i, agus an mhuintir lean di, leanadar fós d'a bhrigh agus d'a blas.

An rùn agus an intinn seo ata againn i nEirinn, ni 'l amhras againn

nach bhfuil siad agaibhse i nAlbain chomh maith ceudna. Tuigimid an meud sin leis an gcuireadh chairdeamhail seo fuaramar uaibh.

Beirimid beannachd chugaibh o Eirinn, an bheannachd Ghaedhealach sin is binne agus is dilse agus is cumhachdaighe de bheannachdaibh an domhain. Go mbuadhaidh Dia libh!

Tabhartha fa n-ar làimh-ne ar son Connartha na Gaedhilge.

Eoin MacNéill, fear eagair Irisleabhair na Gaedhilge.

Padraic MacCathmhaoil.

An 14adh là de Mheadhon Fhoghmuir, 1897.

Tosuígheadh annsin ag tabhairt breitheamhnais ins na comórtasaibh. Bhi tri cinéil diobh ann, ceol, léughthoireachd, agus litridheachd. Ni'l de shlighe againn annso leir-chunntas do chur sios ar na comortasaibh. Ni chualamar agus ni fhacamar dadamh de'n litridheachd, acht thaitin na ceolta agus na leigheachda go mor linn. Nuair bhi an Ghaedhilg Albanach d'a leughadh, thugamar fa deara go raibh eidir-dhealughadh mor idir i agus ar gcanamhaint féin; acht nuair cuireadh guth léi sa' cheol, nior shamhluigh si bheith chomh neamh-chosmhail le Gaedhilg na hEireann.

Cuireadh stad air an obair, ar feadh dha uair sa mleadhon lae. Thug uachdaran an Mhòid cuireadh d'a raibh i làthair, idir breitheamhain, luchd comortais, luehd riartha an Mhòid, teachdairi, agus sluagh mor nach iad, fa theachd 'na dhàil féin go Loch Airdill, ata tuairim agus mile o'n mbaile mor, an ait i n-ar fearadh failte agus féile go fairsing flaitheamhail rompa. Bhi uain againn annsin ar bheith ag caint le cheile. Chuir se iongnadh mor orainn an meud eolais do bhi ag cuid aca ar Ghaedhilg na hEireann agus ar cheol na hEireann. Is iomdha fear ann do bhi ag ceannach an Irisleabhair seo, agus 'ga leughadh gach uile mhi. Nior stadadar riamh ag cur ceasd orainn i dtaobh na Gaedhilge, agus i dtaobh mar bhi an saoghal ag éirghe léi i nEirinn. Bhi dha cheud no tri cheud duine againn ar fhaithche an tighe moir. Bhi coisdi ar tuarasdal ag an righ-fhear Mac-an-Toisich, 'g-ar n-iomchur o'n mbaile mor amach agus ar ais. Piobairi ag seinm ceoil duinn, dream de'n aos òg ag gabhail abhran, agus "taitneamh na gréine orainn, aosda is og," an fhaid do bhiomar ag taisdeal na mbòthar agus na sràid; agus an baile mor amuigh ag feuchaint orainn.

Bhi cuirm cheoil ann am thrathnana. Bhi Tighearna Lobhait, taoiseach Cloinne Fraiseir (ni'l a fhios againn an bhfuil na hanmanna so 'na gceart againn), ag riaghlughadh na cuirme mar uachdaran. Fear òg dathamhail bhi ann, agus é gleusta sa' mbreacan, eudach duthchais na nGaedheal Albanach, mar bhi urmhòr na ndaoine uaisle eile do bhi i lathair. Na daoine rug buaidh in gach comortas ceoil ar maidin, bhiodar ag gabhail an cheoil cheudna dhuinn sa' tràthnàna. I gcaitheadh an lae sin ar fad nior gabhadh acht abhrain Ghaedhilge, acht amhain duan na Bain-rioghna i ndeireadh na dala.

Do casadh orainn i rith an lae, gan tràchd ar ar ainmnigheamar

cheana, na daoine uaisle seo leanas: Ian Mac Aodha o Hereford i Sasanaibh, fear fìor-Ghaedhealach gan fiar gan cam; lamh cho-thuighthe na Gaedhilge 'n-a thìr féin, agus ni hannamh thug se congnamh do chùis na Gaedhilge i nEirinn; Eanraic Mac 'Ille-bhàin, ar a dtugthar "Fionn" mar chomhainm, litridhe leigheannta i nGaedhilg na hAlban; a dhearbhràthair-sean, Ian Mac Ille-bhàin, chomhnuidheàs i nInbhear-Nis; an t-usal urramach Tomas Sinton; Ian Mac Aodha, fear eagair an <eng>Celtic Monthly<gai> i nGlaschu; Ian Mac-an-Toisich, fear dlighidh, ba runaidhe do'n Mhòd; Calum Mac Phartholain, sgrìbhneoir Gaedhilge; A. S. Mac Giolla-brìghde; Alasdair Mac-Bain, fear sgrìobhtha an tSanasain Albanaigh; Alasdair Mac Coinnich, fear eagair do'n <eng>Scottish Highlander;<gai> fear eagair an <eng>Highland News<gai> i nInbhear-Nis; an major A. C. MacCoinnich, o Maryburgh, etc.

Bithear 'ga mheas i nEirinn, ag corr-dhuine go hairithe, go bhfuil aigheadh dùr doicheallach ag an urmhòr de luchd leighinn na Gaedhilge i nAlbain i dtaobh Gaedhilge na hEireann agus i dtaobh luchd leighinn na hEireann. Tig linn a radh nar airigheamar a bheag na a mhor de'n aigheadh sin ag aon duine d'a ndubhramar thuas na ag aon Albanach eile. Ta dòchas làidir againn go bhfeicimid iad go leir 'n-ar measg i nEirinn, an cheud uair eile bhias an tOireachtas d'a thionol againn, no uair éigin eile, muna féidir sin.

O bhi teachdaire ann o'n bhFeis Ceoil, agus fear fiùntach geur-chùiseach dob' eadh

[TD 159]

[Vol. 6. No. 20. p. 7]

e fein, ni fulair go mbeidh a fhios feasda ag luchd stiurtha na hoibre sin nach gceadochadh na hAlbanaigh oiread agus aon abhran amhain do ghabhail tre Bheurla, acht duan na Bainrioghna nach bhfuil atharruighthe go Gaedhilg aca go foill is docha. Da dtugadh muintir na Feise leath na n-abhran duinn i nGaedhilg, nior mhòr linn dòibh an leath eile, agus duan na Bainrioghna 'na gceann, do thabhairt do 'n dream ata gan duil sa' Ghaedhilg.

Ni maoidhte do mhuinntir na hAlban ar a shon sin. D'airigheamar cuid mhòr aca idir uasal agus iseal ag labhairt Gaedhilge le 'chéile, acht nior leig a leisge d'aon fhear aca Gaedhilg do labhairt ar an sgalan os comhair caich. Chuir seo iongnadh mor orainn. Is ar éigin is féidir teanga do chur fa mheas ag an geoitcheanntacht ar aon tslughe is fearr na a labhairt os ard os comhair na coitcheanntachta, go mor mhor ma 's iad luchd an eudaigh chaoil a labhras i. Tuigimid-ne an sgeul sin go maith i nEirinn agus ni stadfamaoid choidche acht ag gearan agus ag geur-chasaid, chomhfhad ta's leantar de'n nos so ag sior labhairt Beurla amhain as comhair an phobail i n-ait ar bith i n-a bhfuil Gaedhilg ag na daoinibh. Ma striocaomoid fein do'n Bheurla os comhair an tsaoghail, is fanach an obair dhuinn bheith 'ga iarraidh air na daoinibh gan striocadh dho sa' bhaile, ar sgoil, ar aonach, no cibé obair ar ambid. Acht ta

intinn na nGaedheal d'a neartughadh le tamall, agus i gceann tamaill eile le congnamh Dé, ni bheidh leisge ar aon-duine fa chùl do thabhairt le n-a shamhail sin de dhroch-nos lag-mheasach, daor-chroidheach meata mi-fhearamhail.

Nior mhaith linn comortas do thogail idir Thadhg agus Domhnall, acht ni fheudfamaoid an sgeul do sgaoileadh tharainn gan trachd ar bhuaidh amhain ata ag an mbuidhin thall orainn féin, .i. tuilleadh litridheachd bheith fa chlo aca de 'n chineal is oireamhaighe mar adhbhar léighte do 'n choitcheanntachd. Fuaramar tri leabhair Ghaedhilge ata tar éis a gclobhuailte i nAlbain, agus nior fheudamar gan a radh linn féin gur mor a naire agus a thruaighe dhuinn gan a samhail do bheith againn i nEirinn.

<eng>"How to read Gaelic"<gai> dob' ainm do cheann aca. Ian Mac 'Ille-bhàin agus Alasdair MacBain do chuir i n-eagar é. Da mbiodh a leitheid do leabhran againn-ne ni bhiadh le deunamh againn acht a chur i làimh Gaedhilgeora, agus an chùis d'fhàgail faoi féin uaidh sin amach.

"Leabhar na Ceilidh(e)" is ainm do'n dara leabhar. Eanraic Mac 'Ille-bhàin do dheasuigh é. Sgeulta gearra grinn agus abhrain agus danta ata ann.

"Sgeulta Arabianacha" <eng>(The Arabian Nights)<gai> an treas leabhar. Ni'l aon cheann aca ro-mhor na ro-dhaor, agus ni'l ionnta acht Gaedhilg na ndaoine.

Cia sgrìobhfas no dheasochas duinn roinnt leabhar Eireannach mar iad?

Oran na Spainntich.

Chuala mis aig m' athair gu'm b'e Forsair Choir-an-Shith a rian Oran na Spainntich; 's gu'm b'e Gillesbig Domhnullach a b' ainm dha, agus gu'n do rugadh e mu 'n bhliadhna 1720. Bha gunna aige an toiseach ris an canadh e Nighean Ruairidh agus b'i a dhiult dha lasadh ri udliche cabrach nan cròc. A reir mar thuirt e fein, bha i aige corr us ochd bliadhna deug. Fhuair e an Spainnteach mu'n àm a bha Diuc musach Chumberland a creach nan Gaidheal, 1746.

Bheir mi dhuibh Oran na Spainntich mar a dh' ionnsaich mi bho m' athair e o chionn corr us tri fichead bliadhna.

Gur h-i bean mo ghaoil an Spainnteach
Ghleidh mo naire rium 's mi 'm aonar
Nuair tharlach dhomh bhi 'nam éiginn
'S mi chuideachd ort fein 'san aonach.
Ni mise dichìoll ma's àill leat
Dheanamh réite riut mar dh' fhaodas
Dean-sa gnìomh cho math 'sa b' àbhaist
'S cha 'n iarr mi gu bràth do chaochladh.

Theirig-sa mu 'n cùl gu h-eòlach
'S na bi deònach air am fuadach,
Sir a ghaoth is rinn an talamh
'S rach neo-aineolach mu'n cuairt doibh,
Luidh gu h-eòlach air an t-socair,
Leig ort iad mu'n cuir thu suas mi,
Smeid a choirag 's caog an t-sùil rium
'S bheir mi lughs bho fhear an nullain.

Beannachd dhuit air son do gheallaidh,
Somalta mi dhe do sheanchas,
Gur a tu mo leannan falaich
Anns a ghleannan 'sam bi far-bhoc.
Ghleidh mi roimhe a feachd an righ thn
Nuair a thog iad cìs na h-Albainn,
D' altrum bho 'n uair sin gu mùirneach
'S ann an diugh tha 'chùis ri dhearbhadh.

Gu de 'chùis a bhiodh tu 'g iarraidh
Nam b' fhiach i nach fhaodte tobhairt,
'S gur caomh-dheas leam ceir no ceann dhiu
Ach aon bhall dhiu thigh'nn mu'm chomhair,
So a chreubh 'sam bheil na dh' fhoghnas
Beag no mor ga 'n cuir thu romham.
Cha bhi h aon dhiu slan bho dhorninn
Ged charadh tu coig dhiu coimheart.

Chairich mi beul air an t-socair
'S cha b'e sid mo dhosgainn anmach
Thainig mac na sonn fo dos-bheul
S e gun fhiamh feadh fochair garbhlach,
Mar annsa leat breug no firinn
Bheirinn m' fhacal fein nach d' fhalbh e.
Nuair a las am fùdar cluaise
'S gann a chual e fuaim na mharbh e.

Bha mi 'n sin gu h-eangach, ialach,
Sgiamhach, riachach, riabhach, fuileach,
Gu h ionadail, armail, ordail,
Gu stob-bhirach, ceòlar, iomairt,
Gu gruamach, maragach, staogach.
B' fhada dh' fhairte gaoth mo theine
'S b'e chuid mhor de dh' aobhar m' iomagain
Gu'm bu phailte cuirm no gillean.

Thug mi greis an sin 'am aonar
'S mi ri smaointean air a mhanran,
Mar bha sean-fhacal ag innse
Mo chleachduinnan fein 'gan àichadh.
Their iad mu bhios fear na bhantraich
Nach fhaigh e samhladh na dh' fhàg e.
'S mise thuirt gu'n robh iad breugach
'S tha mi 'n so 's mi 'n deigh a ràdhinn.

Tha mi 'n so 's mi 'n deigh a ràdhinn,
An deigh a cheud te fhuair mi thréigsinn.
Shiubhail mi machair na Galltachd
Fiach a faighinn samhla ni' chéille,
Cha robh i ann fhad 's a dh' fhalbh mi
An Sasunn, an Albainn, no 'n Eirinn,
Gus an d' fhuair mi as an Spàinnt i-
Soiraidh slàn do m' athair ceile.

Gu mu slàn do m' athair ceile,
Ghleidh e dhomh 's mi 'm eiginn leannan
Leis an siubhlinn beinn us eudan,
'S leis nach biodh mac eilde fallain.
Gu'm bu tric a tholl mi bian leat,
B'e mo mhiann bhi leat a falach
'S ma bhios tu beo leth-choig bliadhna
Dh' fhaodte nach bi fiallach falamh.

Buaidh us beannchd pailt us buannachd
Air an lainmh bho 'n d' fhuair mi 'n Spainnteach,
Nuair a bha mi air mo bhuaireadh
Duail nach fhaighinn luach na dh' fhag mi,
Cheangail mi riut snaidhm nach fhuasgail
Air a chiad Di-luain de 'n ràidhe,
'S ged bu taitneach bha Nighean Ruairidh
'S teann mu 's i na fhuair mi 's taire.

ALASDAIR AN RIDGE.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 160]

[Vol. 6. No. 20. p. 8]

Am Bodach Bochd.

LEIS AN LIGHICHE IAIN MAC GHRIOGAIR.

'S tric mi smaointean 'am aonar
Air gach aonach us gleann,
Anns am b'abhaist dhomh sineadh
Sios fo dhidean nam beann;
Ann an laithean faoin m'oise,
'S mi bu ghoraich bhiodh ann,
Ge do dh'fhas mi nis aosda,
'S mi air caochladh nach gann,
'Na m' bhodach bochd.

Thogainn fonn feadh na frithean,
A bhiodh finealta, binn,
'S ghabhainn oran beag, gorach,
A bhiodh ceolmhor ri sheinn;
Dheanainn ceilear us comhail
Ris na h-oighean bu ghrinn,
Mas do dh'fhag mi tir m' eolais
Gu bhi seoladh nan tuinn,
'Na m' bhodach bochd.

Thogainn siuil ris a' bhata,
Nuair a b'abhaist dhomh strith
Ris na companaich ghradhach,
Leis 'm bu naire bhi sgith;
'S chuirinn cop ris an t-sroin aic',
Dh'fhagadh broinean gun bhrigh,
Ged a nochd tha mi bronach,
Leis cho leonta 's tha mi,
'Na m' bhodach bochd.

Caite nis bheil na fiurain
A bha dumhail, deas, cruaidh,
Chuireadh ruaig agus sgiursadh
Air gach duthaich le buaidh?
Na fir ghreimeanta, laidir,
Do 'm bu mhalda leam gruaidh,
'S a rinn m' inntinn ro chraiteach,
Le bhi 'n trath so 'g an luaidh,
'Na m' bhodach bochd.

Tha cuid mhor de na seoid ud
Anns gach cearnaidh fo'n ghrein,
Tha cuid eile fo 'n fhoid dhiubh,
'S cuid rinn bronach mi fein,
Iad bhi 'n dumhlachd na doimhne,
Measg nan tonn 'an tìr chein,
'S och, gur tursach mo chuimhne,
'S mi ri caoidh nam fir threun,
'Na m' bhodach bochd.

Faire, faire, mo mhaighdean,
A bha caoimhneil, gun ghruaim,
Thogadh solas us aoibhneas
Suas air m' inntinn le d' stuaim;
'S beag a shaol mi, mo mhuirninn,
Anns an uin a chaidh bhuam,
Bhi 'na m' thruaghan crom, crubach,
Nach dean sugradh no fuaim,
'Na m' bhodach bochd.

'S tric a sheinn mi binn oran,
Do 'm bu cheolmhora fonn,
Do mo ribhinn, thar moran
Do 'm bu bhoidhche leam conn;
'S ged do sheol mi cian aite,
Air feadh bharcaich nan tonn,
Cait' an d'fhuar mi riamh, caite,
Oigh cho aluinn, trom donn?
'Na m' bhodach bochd.

Ged tha ghrian air mo rosdadh,
Agus m'fheol air fas fann,
Togam orm gu tìr m'eolais,
'S togam seol ris gach crann;
Gu bhi fagail nan Innsibh,
Suas gu tìr nan ard bheànn,
Tìr mo roghainn 's mo shinnsear,
Gu tìr riomhach nan gleann,
'Na m' bhodach bochd.

Tha mo chiamhag air liathadh,
Tha mo cheann air fas maol,
Tha gach bliadhna 'g am bhliathadh,
'S tha mo sgiamh air fas caol;
Ach gu 'm basaich gach iarraidh,
'S theid gach miann bhuam fo sgaol,
Chaidh cha chaochail gu siorruith
Mo mhor mhiann dhut 's mo ghaol,
'Na m' bhodach bochd.

Dhe, a chruthaich an saoghal,
Nach ro fhaoin e mar cheo?
'S nach e daoine tha baoghalt,

Bhi toirt gaol do na sgleo?
A theid seachad mar sgaile,
'S mar tha 'n dain do gach beo
Searg 's an uir no 's an doimhne,
'S cha bhi cuimhne ni's mo
Air BODACH BOCHD!

Cuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA. Cha 'n eil e cosg ach dolair 'sa bhliadhna, agus gheibh thu na tha gun ruith dhe 'n bhliadhna so a nasguidh.

FAICEALL

a mhuinntir òga, cha mhair na suilean boillsgeach, no na gruaidhean dearga sin agaibh fada ma bhios tinneas stamaig oirbh. Ma tha sibh gòrach 's ma tha sibh a nise air ur cradh le cion-cnamhaidh, gairmibh g'ur cuideachadh an lighiche tapaidh sin, K. D. C. Cuiridh e ruaig air an nàmhaid, agus aisigidh e lathaichean briagha, sona dhuibh. Bu chòir K. D. C. a bhi anns gach tigh, oir leighsidh e gach seòrsa tinneas stamaig.

Sampuill de K. D. C. 's de na <eng>Pills<gai> a nasguidh.
<eng>K. D. C. Company Limited, New Glasgow, N. S., & 127 State St.,
Boston, Mass.<gai>

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir

tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.

ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., Sept. 1, 1897.

[TD 161]

[Vol. 6. No. 21. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 19 NOBHEMBER. 1897. No. 21.

Litir a Ontario.

FHIR-DHEASACHAIDH:—Bha stoirm mhor shneachda againn an so oidhche Di-luain an ochdamh là de'n mhios so. Bha 'n sneachda mu through a dhoimhneachd anns a choille. 'S fhada bho nach robh bliadhna againn a bha sinn cho fada gun sneachd fhaotainn. Thainig a cheud fhras bheag air an 29mh là de <eng>October<gai>. Bha side bhriagha ann air son gach ni a dheanamh. Tha cuid a fhuair moran treabhaidh a dheanamh, ach tha cuid eile nach do rinn a bheag sam bith. Tha e furasda gu leòr do 'n mhuinntir aig am bheil an comas gach ni a dheanamh mar is àill leotha, ach am fear aig nach eil an comas no cuideachadh bidh e air dheireadh anns gach ni.

Ma ta, 'se so seann oidhche shamhna, ach cha'n eil iomradh oirre aig an òigridh 'san dùthaich so. 'S iomadh bodach glas a bhiodh a mach 'san t-seann dùthaich air an oidhche so de'n bhliadhna ri cluich 's ri gòraiche ni bu mho na tha aig an òigridh a tha beò a nis 'san dùthaich so; ach ged tha muinntir againn nach do chleachd a bhi ri cluich air amanna sònruichte de 'n bhliadhna, a smaoineachadh gu'n robh iad gòrach a bhiodh ri 'leithid sin, bu làidir 's b' fhallain iad na muinntir na dùthcha so. Cha mhor a tha ri fhaotainn de na seann daoine còire—tha iad air falbh a dh' iunnsuidh na dachaidh bhuan.

Chaochail an duine a thog a cheud bhothan 'sa bhaile bheag so (coig agus dà fhichead bliadhna air ais), fo cheann tri seachdainean. 'Se Iain MacAmhlaidh a b' ainm dha. Bha e ceithir fichead agus tri bliadhna a dh' aois. Rugadh e 'san eilean Ileadh. Chaochail bantrach

Dhughail 'Ic Aonghais air an t-seachdain s'a chaidh, aois ceithir fichead 'us coig bliadhna. Rugadh i 'san eilean Mhuileach. Chaochail mar an ceudna Bean Uilleam Dhòmhnullaich, a rugadh ann an Uidhist, aois trì fichead 'sa deich; agus moran eile nach eil àit agam an ainmeachadh an tràs.

Bha 'n t-Urramach D. A. Mac'Illeathain a searmonachadh againn 'san eaglais Chléirich da Shàbaid. Shearmonaich e ann an Gàidhlig air an t-Sàbaid s'a chaidh, agus bha moran de luchd na cainnt bhriagha, bhlasda sin a mach 'ga éisdeachd.

Bha mi 'g éisdeachd còmhraidh an oidhche roimhe eadar Dùghal Greusaiche agus Dotair Hilton. Bha Dùghal a dearbhadh dha nach e cànan idir a bh' anns a Bheurla, nach robh i ach air a goid bho'n a h-uile cànan eile, 's nach b'e sin do'n Ghàilig ach gu'n robh i air a deanamh suas a neo-ar-thaing air gach cànan eile. Bha 'n Dotair a' tigh'nn a mach le facail mhora bheurla a leigeil ris gur i a chainnt a tha 'riaghladh na dùthcha. Ach cha chluinneadh Dùghal a bhi cur sios air a Ghàidhlig idir.

Bha mi a leughadh litir "Iain" á Alba agus 's math a tha i air a cur an òrdugh. Ach beagan taing dha air a shon sin, oir thug e fad na bliadhna a trusadh naigheachdan. 'S math leis cluinntinn o mhuinntir eile, ach gun e fein a sgrìobhadh ach uair 'sa bhliadhna. Mo nàire, Iain chòir! Feuch a ris an ùine ghoirid, agus na bi coltach ri "Gilleasbig Beag" agus an duine dubh. Bha 'n duine dubh ri ùrnuigh 'sa choinneamh 's e cur a mach briathran mora làidir, agus aig ceann a h-uile rann a chuireadh an duine dubh a mach, theireadh Gilleasbig;—'S beag a ni thu féin dhe sin.

Bha coinneamh aig na <eng>Reformers<gai> ann am baile Dhurham an la roimhe air son fear ainmeachadh gu ruith air son Parlamaid Ontario, anns an t-siorrachd so <eng>(Grey).<gai> 'S e Eirionnach d' an ainm <eng>Morgan<gai> a thagh iad. Tha Mr MacNichol a ruith a ris air son nam <eng>Patrons,<gai> agus gu cinnteach ruithidh na <eng>Conservatives<gai> fear, oir tha iad a faicinn rathad mor eadar an dithist eile air son iad a dh' imeachd air gu réidh.

Tha 'n t-àm agam a nis sgur, oir tha àm codail ann agus bidh mi leisg air éirigh 'sa mhaduinn mur teid mi a luidhe an am. Slàn leibh. Is mi ur caraid,

IAIN MAC-ILLEASBUIG.

<eng>Priceville, Nov.<eng> 11, 1897.

Facail a Margaree.

Tha 'n t-side gle fhliuch, fuar, bho chionn corr 'us seachdain, agus tha na rathaidean air fas gle dhona. Tha 'n geamhradh ga nochdadh fhein 'lion beag 'us beag.

Chaochail boirionnach-Màiri Dhomhnullach—an so air an t-seachdain a chaidh seachad, air an robh mor mheas aig na h-uile 'chuir eòlas

orra. Bu nighean i do Chaiplean Ailean Mac Ruari, nach maireann. Bha i na boirionnach caoimhneil, blath-chridheach ri gach neach, agus cha 'n fhaca duine riamh gruaman oirre. S iomadh aon a bhios a g' ionndrainn "Màiri bheag Ailean."

Bha Domhnull agus Alasdair a marbhadh mairt dhuin'-usal araid bho chionn ùine gun a bhi fada. Rug Alasdair air cheann air a mhart, agus bhual Domhnull i. Thuit a mart, rud a bha ceart gu leor dhi dheanamh. Riach iad an amhach aice; dh' fhosgail iad cuisl' oirre, agus leig iad aisd', air leo, an fhuil gu leir. Thoisich iad an sin air riachadh nan casan aice, gus a feannadh, ach thug a mart cruinn leum aisde, air a casan bha i, agus a mach a thug i. Ruith Domhnull as a deigh, rug e oirre, agus ghlaodh e ri Alasdair a chuideachadh. Ach ghlaodh Alasdair aird' a chinn, "Bi cuibhteach i Dhomhnull, tha 'n droch spiorad innte." Ged a bha lamhan Dhomhnull an greim, cha robh a theanga, agus fhreagair e, "Cha 'n eil cion spioraid oirre, co-dhiu tha e math na dona." Coma co dhiubh, nuair a ghlac Domhnull a mart ghlac Alasdair misneach agus le cuideachadh ni math fhuair iad a mart a chiosnachadh. Thuirt iad a sin ri cheile nach cluinneadh duine gu brath mar a thachair, ach sùil g' an d' thug iad faicear Iain Aonghais Ailean seachad an rathad agus e call a chli sa [?]chdaich. "O," ars Alasdair, "seall mac na mollachd. Bidh so 'sa MHAC-TALLA." Sin mar a thachair do Dhomhnull agus do dh' Alastair, agus ma bhios duin' air bith a feorach co aige chuala sibh e, faodaidh sibh a radh gur ann aig

CASSIE.

Thionndaidh Sasunnach a chaidh a dh' fhuireach do Cheylon, na Mhahometanach, agus an sin phos e bean eile, Ban-Sasunnach a bha i-fhéin air tionndadh gu creideamh an fhàidh-breige. Chuir a cheud bhean an sin a stigh air son litir-dhealachaidh. Thagair esan gu robh còir aige, mar Mhahometanach, air a bhi pòsda ri àireamh cho mor de mhnathan 'sa thogradh e, ach air do'n chùis a dhol gu cùirt, chaill e. Rinn na breitheamhan a mach nach robh coir aig Breatunnach a bhi pòsda ach ri aon bhean, ge b'e de 'n creideamh a bhiodh e 'g aideachadh.

A DHURACHD.—Aon latha bha grunnan de luchd-obrach a bruidhinn mu'n fhear a bha 'g amharc thairis orra, agus bha iad a' gearan gu mor air cho cruaidh 'sa bha e orra. "Gu de do bharrails' air, Alasdair?" arsa fear dhiubh ri fear eile nach robh ag radh facal. "Mise," ars' an duine sàmhach, "O, cha'n eil mise 'guidhe olc sam bith a thighinn air; ach b' fhearr leam gu'm faodte radh uime mar a chaidh a radh mu Enoch o shean—'Agus cha robh e ann, oir thug Dia leis e.'"

[TD 162]

[Vol. 6. No. 21. p. 2]

SEUMAS I.

Chaidh Seumas I. agus a' bhan-rìgh a chrùnadh 'an Scoinn' air an ceud là fichead de cheud mhios an t-samhraidh, 1424, agus rùnaich e co luath 's a shuidh e air a' chathair toiseachadh air ath-leasachadh a thoirt air aghaidh feadh na rioghachd gu h-ìomlan. O bhàsaich rìgh Raibert bha na cinn-fheadhna na 's na h-àrd uaislean air fas co ceannasach 's nach tugadh iad ach an tomhas ùmhlachd a thogradh iad féin do'n lagh shìobhalt. Bha 'chaid mhòr dhiubh sud a' gabhail brath air an-fhainneachd nan rìghrean a lean 'na dhéigh-san, agus ni's ro mhò na sin air an dà thàinistear. Chuir Seumas roimhe nach giùlaineadh e le sud ni b' fhaide; an dara cuid gu'n cuireadh e fodha na ceannaircich ud, no gu'n cuireadh iadsan esan fopa. Fhuair Seumas 'an Sasunn am foghlum a b' fhearr a bha ri fhaotainn 's an linn ud, agus bha comasan inntinn aige mar dhuin', air son feum a dheanamh dheth na chunnaic 's na dh' fhoghlum e. Thoisich e gu riaghailteach ach gu h-eagallach air obair an ath-leasachaidh. Ghairm e Pàrlamaid cruinn 'am baile Pheirt, air son comhairl' a thoirt mu nithibh a bhuinneadh do'n rioghachd. 'N uair a bha iad uil' air tional, agus gu deas-bhriathrach, 's gu neo-umhaileach a' comh-labhairt mu ciod bu chòir a dheanamh, chuairtich feachd armaicht' an tigh 's an robh iad cruinn, 's chaidh sea duine fichead de na morairean co cumhachdach 's a bha 's an tìr a ghlacadh 's a chur 'am prìosun. 'N am measg sin bha Murchadh, Diùc Albani, agus a dhithis mac, agus Iarla Lenocs, 'athair-céile. Aig an àm cheudna, bha buidheann shaighdearan air an cur air leth gu ionnsuidh a thoirt air na daighnichibh làidir a bh' aig cuid de na morairean bu cheannairich am feadh a bha iad féin o'n bhail' aig a' Phàrlamaid. Agus o nach robh smuaineachadh sam bith aca roimh laimh air ciod a bha 's an amharc aig an rìgh, fhuair e sealbh air na caistealaibh ud uile gu furasd', 's gun dòrtadh fola. Chuir ealamhachd nan gluasad sin eagal 'us uamhas air moran a bha cleachdta ri bhi 'cur an neo-shuim òrdugh sam bith a gheibheadh iad o rìgh no o Thàinistear. Chaidh Diùc Albani, a dhithis mhac, agus athair-céil a dhìteadh, agus an cur gu bàs còmhladh, leis a' cheann 'chur dhiubh. Bu ghnìomh cothromach gun teagamh, ceud Diùc Albani a thoirt gu deuchainn, 's a dhìteadh gu bàs; thoir e sin. Ach bha esan air dol far nach ruigeadh dìoghaltas duin' air. B' iad na na cùisean dìtidh a bha 'n aghaidh an Diùc agus a chuid mac gu'n d' rinn iad mi-ghnàthachadh air an ùghdarras rioghail ri àm dha bhi 'na Thàinistear. Ach tha daoibh a' cur an teagamh gu'm bu ghnìomh ceart a mhac 'us mic a mhic a chur gu bàs air son nithe ain-dligheach de 'm feudadh iad a bhi ciontach. Bha na h-òganaich na'n daoibh àrda, flathail, 's bha tomhas de chomh-fhulangas ri fhàicinn a measg an luchd-amhairc 'n uair a chuireadh na cinn diubh.

Ach 'n uair a dhirich Iarla Lenocs an sgalan, 's a chuir e a cheann air an ealaig, thàinig goirseachadh 'us grath a measg an t sluaigh, a bha 'taisbeanadh gu'n robh iad dìombach. Bha 'n t-Iarla ceithir fichead bliadhna, 's bha 'fholt air gealadh. Bu shealladh sgreadaidh a leithid de cheann fhaicinn làn fola; agus cha 'n furasd a dheanamh a mach a nis ciod na coirean a bha ri 'n cur as a leth.

'An deigh laghanna maith fhaotainn troimh 'n Phàrlamaid, chuir rìgh Seumas aghaidh air a' Ghàeltachd, a bh' air dol dheth a rian

buileach, le cleachdaidhibh mi-laghail cuid de na cinn fheadhna. Ghairm e coinneamh Pàrlamaid 'an Inbhernis, 's a' bhliadhna 1427, agus chuir e fios air na cinn-fheadhna Ghàelach a b' ainmeil' iad 'ga choinneachadh 'an sin. Bha Aonghas Dubh MacAoidh Shrath-nàbhair air togail mòran creich' 'an cearn' àraidh de Ghall-thaobh goirid roimhe sud. Chuir e féin 'us dream lionmhor a' mhuinntir an àite sin blàr aig àite ris an abrar Harpisdail. Chaidh mòran a mharbhadh air gach taobh; ach o'n a thearuinn Aonghas féin 'us roinn mhaith de 'chuid daoine, lean e air togail chreachan mar roimhe sin. Thionail na cinn-fheadhna gu ruig Inbhernis, co dhiubh a b' eagal peanais o'n rìgh na'n diùltadh iad, no dùil gu'n gabhadh e gu coimheil riu, 's gu'n tugadh e làn mhaithneas doibh, a thug orra sin a dheanamh. Ach co luath 's a chaidh iad a steach do'n talla 's an robh 'Pharlamaid cruinn, chaidh dà fhichead diubh chur an làimh, 's an druideadh 'am prìosunaich fa leth, le òrdugh an rìgh. Cha 'n fhaigheadh iad cothrom aon a chéile, no aon de'n luchd-leanmhuinn fhaicinn. Bha Aonghas Dubh MacAoidh, 'us Alastair Dòmhnallach, morair nan eilean, agus a mhàthair, ban-Iarla Rois, a measg na muinntir a chuireadh 'an làimh. Chuireadh iad sin uile fo dheuchainn air son am beatha, agus chaidh an fheadhainn bu ro chiontaiche dhiubh a chur gu bàs. Fhuair Fear nan eilean 'us Aonghas Dubh cead an cois', an deigh an cumail greis na 'm prìosunaich. Ach b' éigin do Aonghas a mhac, Nial, a thoirt seachad mar gheall air gu'n cumadh e 'n t-sìth an déigh sin. Rinneadh prìosunach de Nial 's an sgeir mhara ris an abrar am Bàs, far an do chumadh àireamh bhliadhnachan e, 's air son an d' fhuair e 'n t-ainm Nial Basa MacAoidh. Dh' éirich Alastair Dòmhnallach nan eilean 'an ceannairc a rìs, co luath 's a phill an rìgh do 'n taobh deas. Thog e deich mìle duine 's na h-eileanaibh agus an Ros; leis an fheachd làidir so loisg 'us dh' fhàsaich e roinn mhor de'n dùthaich, agus gu h-àraidh fearann a chrùin, ris an robh fearg mhòr aige; agus loisg e gu làr baile Inbhernis, a bha na bhaile rioghail. Ach thionail an rìgh armailt lionmhor air ceann an deachaidh e 'n dara uair do'n Ghàeltachd a' ruagadh a cheannaircich so. Thàinig e co grad air fear nan eilean aig Lochabar 's gu 'n do ghlacadh le clisg' e. Ach rinn Alastair air son e fein a dhionadh le còmhrag mar a b' fhearr a b' urrainn e. Mu 'n tàinig na laoich gu ionad tharruing lann, theich na Camshronaich agus Clann Chatain gu taobh an rìgh 's mar a chaidh taobh Alastair a lagachadh co mor leis an treigsinn ud, cha do sheas e fad sam bith ri armailt an rìgh. Lean iad an t-eileanach bochd so teann 's an ruaig 's gu 'n d' aithnich e nach robh dol as aige. Chuir e teachdaireachd thun an rìgh a dh' iarraidh maitheanas, agus a' gealltuinn gu 'm biodh e 'na iochdaran umhal, dileas as a dhéigh sud. Ach cha 'n éisdeadh an rìgh ris. Thug e teann òrdugh da chuid oifigearaibh Alastair a ghlacadh 's gun a chur gu bàs. 'N uair a dh' aithnich an t-eileanach nach robh dol as ann o shior leanmhuinn a luchd-tòrachd, rinn e air son e féin a thilgeadh air trocair an rìgh 'an doigh co iriosal 's air am b' urrainn e smuaineachadh. Ghoid e do Dhun-èidinn co uaigneach 'sa b' urrainn e, agus thaisbean se e fein 'am fianuis an rìgh 's na ban-rìgh air Didomhnuich-caisg, ann an eaglais Holirud, 'n uair a bha iad ag aoradh fa chomhair na h-altrach, air an cuartachadh le àrd-uaislibh na cùirte. Cha robh gruaig no bonaid air Alastair, no armach no breaghachd sam bith; bha ghàirdeana 'sa luirgnean dearg lomnochd. Cha robh mu 'cholain ach aon fhilleadh plaide, agus bha

claidheamh rùisgt' aige 'na laimh, agus a' chlaidheamh air a roinn, thairg e 'n dòrn-chur do 'n rìgh, a' tuiteam air a ghluinibh 'na fhianuis. Rinn a' bhan-rìgh 's na h-ard-uaislean uiread de maslachadh air an rìgh 's gu 'n robh e air aomadh gu beath' an truaghain a chaomhnadh. Ach chuir e air ball 'na phriosunach e do Chaisteal Thuntalla, fo churam Iarla Aonghais. Ach thaisich an rìgh goirid an deigh sin agus thug e 'shaorsainn do Alastair an deigh a chumail bliadhna 'na phriosunach. Fhuair a mhàthair, ban-Iarla Rois, a saorsainn aig an àm cheudna. Thachair so 's a' bhliadhna 1429.

Am feadh a bha morair nan eilean 'na phriosunach, thog Domhnull Ballach, caraaid dha, feachd lionmhor 's na h-eileanaibh, agus air tìrmòr na Gaeltachd an iar, leis an d' rinn e moran call air feadh na dùthcha. Chuir e air theicheadh Iarla Mhàrr 'us Iarla Ghall-thaobh le àr mòr aig Inbherlòchaidh. Ach thainig feachd lionmhor a bhuineadh do 'n rìgh, air ann an sin, agus dh' fhàg Domhnull 'armailt air a' bhad, 's theich e do dh' Eirinn, far an do mharbhadh e goirid 'an déigh sin.

Ach mu 'm fàg sinn eachdraidh na Gàeltachd 's an rioghachadh so, feudar aon saimpleir fathast a thoirt air a' mhi-riaghailt agus an troimhe-chéil' a bh' anns a' chuid sin de 'n rioghachd. Thug creachadair comharraichte d'am b' ainm Domhull Ros, air falbh, a measg nithean eile, da bhoin o bhantrach bhoichd 'an Siorrachd Rois. Ann an searbhadas a spioraid air son an fhòirneirt a rinneadh oirre, bhòidich i nach beanadh bròg da 'cois gus an ruigeadh i 'n

[TD 163]

[Vol. 6. No. 21. p. 3]

rìgh, 's gu 'n innseadh i le 'beul féin da ciod an t-ana-ceartas a fhuair i. Thainig so gu cluas bhraidein. "Is bòid bhrist' a bhitheas an sin," ars an t-uamhair. Thug e ma'n airidh greim a dheanamh air a' bhoireannach, agus crùidhean eich a thairingneachadh air a bonnaibh le gobha. "Nis," arsa Domhull, "rach do Dhuneidin co luath 's is urrainn thu." Cha do rinn so ach a cur thuige ni bu ro mhò gus a bòid a choimhlionadh. Cho luath 's a shlanuich a bonnan chaidh i do 'n taobh deas. Fhuair i cothrom an rìgh fhaicinn, 's dh' innis i 'n réidh sheanachas da mar a rinn Domhull oirre. Ghrad chuir an rìgh òrdugh gu Siorraimh na Siorrachd 's an robh e, Domhull a chur da ionnsuidh gu ruig Peirt. 'An ùine nach robh fada bha Domhull 'us da chompanach dheug nan seasamh air beulaobh an rìgh. Thugadh binn am bàis a mach. B' e 'n dòigh bàis a fhuair Domhull féin an ceann a chur dheth. Chrochadh an dà fhear dheug eile.

Ach ged a b' fheumail do 'n rioghachd an duinealas 's an leth-bhreitheachd leis an robh Seumas a' frithealadh ceartais anns gach cearna, 's a measg gach inbhe, bha sin a' dùsgadh suas moran mi-ruin 'us naimhdeis 'an aghaidh a phearsa féin a measg cuid air an robh an ceartas a' deanamh greim, o àm gu h-àm. Agus thòisich cuid diubh sin a' dol 'an comh-bhoinn a nis air son a bheath' a thoirt deth, agus aon de theaghlach bhrathar-athar, Diùc Atholl, a chur air a'

chathair 'na àite. Bha fear àraidh, Sìr Raibeart Greumach, co dàna 's gu 'n do chomhairlich e 's a' Phàrlamaid an rìgh a chur an làimh, 's a chur am prìosun air son co cruaidh 'sa bha e air luchd deanamh uile. Rinneadh peanas air a' Ghreumach air son na cainnt ud, agus thugadh uaithe 'chuid fearainn uile. 'An sin rùnaich an uilebheist air dioghaltas. Theich e do bheanntaibh na Gàeltachd, 's chuir e teachdaireachd thun an rìgh, gun do thilg e dheth na h-uil' ùmhlachd dha, 's gu 'n robh e ga mheas féin aig saorsainn a bheatha thoirt deth, na 'm faigheadh e 'n cothrom. Fhuair an ceannairceach ud moran eile de dhaoinibh inbheach a cho-aontaich ris an droch ghnìomh. Cha do chuir an rìgh cùram sam bith 's a' bhagradh ud. Chuir e seachad a' bhliadhn' ùr, 's deireadh a' gheamhraidh 'am baile Pheirt. Cha robh àite 's a' bhaile sin freagarrach ris a' chùirt a bhi 'tàmhachd ann, ach tigh mor Mhanach, a bh' air a thogail am meadhon lis mhòir, air taobh a' muigh a' bhail', agus a bha cuairtiche le dìg mhòir, dhomhainn. Bha seòmradair an rìgh féin 'na aon de 'n luchd comhbhoinn. Air an fhicheadamh la de cheud mhios an earraich rinn iad air son an rìgh a mhortadh. Fhuair an seòmradair glasan gach rùm fa leth de 'n tigh air a milleadh, air sheòl 's nach gabhadh aon diubh glasadh; 's bha ullachadh àraidh aig air a dheanamh air son na sprìudhairean a leigeadh a steach air an dìg 'n uair a dhorchaidh an oidhche. An uair a bha 'n rìgh 'us luchd-dreuchd na cùirt' ag ullachadh air son gabhail mu thàmh, chunnacas solus neo-àbhaisteach a' dealrachadh timchioll an tighe; 'an tiota chaidh na dorsan a thilgeadh fosgailt' o'n taobh muigh, 's cha robh seòl air aon diubh a dhùnadh. An uair a thuig an rìgh an rud a bh' ann, 's nach robh dol a null no nall aige, rug e air a' chlobha, 's reub e o 'chéile dha de na duilleagan a bha 's an làr, 's leig se e féin sìos do thigh-làir a bha fo 'n t-seòmar. 'An deigh do 'n luchd-tòrachd cuairt a thoirt air feadh gach seòmair 's gu'n iad ga fhaotainn, thòisich e air fas mi-foighidneach 's an àite dhorch, an-shocair, 's an robh e, agus dh' iarr e ni-eigin air aon de bhain-tighearnan na cùirte. Thachair gu 'n tainig aon de 'luchd-tòrachd a steach do 'n t-seòmar 'n uair a bha i so agus an rìgh a' comh-labhairt. Fhuair a mach mar sin c'àit an robh e 's chaidh an Greumach sìos do 'n thigh-làir agus dithis bhràithrean d' am b' ainm Hall, 's bhual iad air 'n an triuir gus an do lot iad gu bàs e. Mu 'n gann a bha obair nam mortairean seachad chualas feadh a' bhaile am fuathas a bh' ann 's thionail daoine' as gach cearna gu tigh nam Manach. Ach thug na mortairean an casan leò, 's fhuair iad an oidhche sin féin do 'n mhonadh, ach fear no dithis air an d' rugadh 's an ruaig. Thog a' bhan-rìgh, a bha iomraiteach air son maise, oirre gus na mortairean a thoirt gu ceartas, agus an taobh a stigh de cheann mìos an deigh a' ghnìomh oillteil ud, cha robh aon duine dhiubh nach robh air a ghlacadh 's air a chur gu bàs. Chaidh an Greumach agus seòmradair an rìgh a chur gu bas 'an dòigh a dh' fheumadh a bhi ro sgreadaidh do 'n mhuinntir a bha 'g amharc orra. B' ann 's an treas bliadhna deug de 'rioghachadh, agus 's an dà fhicheadamh bliadhna 's a tri dheth aois a chaidh rìgh Seumas a mhortadh. Rinneadh caoidh mhor air a shon. Agus bha aobhar aig sluagh bochd Alba a bhi ga ionndrainn. Rinn e moran laghanna maith air son nan daoine bochd a chur saor o ain-tighearnas nan uachdaran. Bha e 'na dhuine gleusta, tàlainteach an iomadh dòigh. Rinn e mòran bàrdachd, agus tha cuid dhith a th' air a leughadh gus an là 'n diugh, 's an taobh deas.

SEUMAS II.

Thainig Seumas II. thun na caithreach gu siochail aig bàs 'athar, agus gun e ach sea bliadhna dh' aois. Mar a bha na h-uiread an crochadh ri treubhantas 'us neo-lethbhreitheachd an rìgh 's na linnibh ud, 's nach robh 'n t-òg rìgh so air tighinn gu aois gu 'n tugtadh riaghladh sam bith dha, thuit an rioghachd gu grad a dh' ionnsuidh an troimhe chéile, 's na mi-riaghailt a bha coitchionn roimh rioghachadh a' cheud rìgh Seumas. Bha moran còmhstri 'us farmaid eadar an dithis dhaoine a bh' air an cur air leth leis a' Phàrlamaid air son an da dhreuchd bu chudthromaiche 's an rioghachd, Sir Alastair Mac-an-Léigh, fear-gleidhidh pears' an rìgh, agus Sir Uilleam Craighton, àrd-riaghlair ghnòthuichean follaiseach na rioghachd. Bha 'n tiodal aig Sir Alastair ni b' fhaig air dreuchd na tàinistearachd, ach bha 'm fear eile a' cumail a mach air h-ann ri dhreuchd féin a bha na h-uile gnè riaghlaidh ceangailte. Chuir Mac-an-Léigh gairm a mach aig Crois gach baile mhòir, gu'm feumadh na h-uile dhaoine 'umhlachd a thoirt dhasan fo phéin a bhàis. Chuir Craighton gairm de 'n t-seòrsa cheudna mach gur h-ann dha féin a dh' fheumadh na h-uile bhi umhail. Bha 'n còmhrag so a measg an luchd-riaghlaidh a' meudachadh tàir dhaoine ceannairceach air gach lagh 'us riaghailt. Thachair do Chraighton a bhi 'na cheannrd air Caisteal Dhuneidin roimh bhàs a' cheud Sheumas. Chuireadh Seumas òg do 'n daingneach laidir sin air sgàth dion an deigh bàis 'athar. Bha Caisteal Shruileidh aig Mac-an-Léigh. Agus ged b' ann do 'n fhear so a dh' òrduicheadh a bhi gleidheadh pears' an rìgh, cha leigeadh am fear eil' a mach as a dhaingneach féin e, air eagal gu meudaicheadh e cumhachd an fhir eil' an rìgh a bhi air a chùram. Ach bha ban-rìgh Ioanna air taobh Mhic-an-Léigh, agus 's ann aigesan bu roghnuiche leath' a mac a bhi. Agus smuainich i air seòl a dheanamh air a ghoid o chumhachd Chraighton. Chaidh i steach do Dhun-eidin, 's dh' iarr i cothrom a mac fhaicinn, 's a bhi ga fhaicinn gu tric gus am biodh fios aice gu 'n robh cùram iomchuidh ga ghabhail dheth. Thuirt i ris a' cheannard air la àraidh gu 'n robh i air son a dhol air naomh-chuairt gu eaglais gheal Bhrechin, a dheanamh ùrnuigh air a son féin 's air son a mic, agus gu 'm feumadh i da chist' fhaotainn a mach as a' chaisteal anns an robh a cuid eudaich agus a seudan. Fhuair i cead sin a dheanamh. Chuir i 'cuid eudaich 's an dara cist' agus a mac anns a' chist' eile, 's fhuair i mar sin seachad air an luchd-freiceadain, gun an amharus sam bith a thogail. Bha i féin 's an rìgh òg gu tearuint' 'an Caisteal Shruileidh mu 'n do thuig fear Dhuneidin gu 'n tugadh a char as. Ach beagan bhliadhnachan an déigh sin, chaidh aig Craighton air a chùineadh féin a thoirt air ais do fhear Shruileidh. Bha luchd-brathaidh aig' a ghnàth timchioll air a' bhaile sin ag innseadh dha cionnus a bha nithe a' dol air aghaidh. Fhuair e mach gu 'n robh 'n rìgh gu bhi sealg 'am Pàirc Shruileidh air maduinn àraidh, 's gu 'n robh Mac-an-Léigh air falbh o'n tigh. Thug e leis ceud fear fo 'n armachd, 's thug e orr' a dhol a steach do 'n Phàirc gu folchuidh an oidhche roimhe sin. Bha 'n oidhche gu maith dorcha, 's cha d' fhidir neach gu 'n robh 'n fheall-fholuch air a suidheachadh. Gu maith moch air a' mhaduinn thainig an rìgh a mach le tearc luchd-coimheadachd a shealg. Ghrad leum Craighton 's a

luchd-leanmhuinn as an ionadaibh foluich, 's

(Air a leantuinn air taobh 166.)

[TD 164]

[Vol. 6. No. 21. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gàilig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 19 NOBHEMBER, 1897.

A <eng>Portage la Prairie.<gai>

A CHARAID CHOIR.—Tha mi dol a dh' innse dhuibh gu bheil beagan de na Gàidheil anns an àite so; ach tha a' Ghàilig againn air fas car meirgeach, agus air an aobhar sin thòisich sinn air cumail "Céilidh" aon fheasgar 's an t-seachdain, gu cothrom a thoirt dhuinn air a bhi bruidhinn ri chéile 'nar cànan fhéin, agus a bhi a seinn nan òran a chuala sinn ann an làithean ar n-òige. Tha mi 'cur dolar g'ad ionnsuidh air son gu'n cuir sibh am MAC-TALLA ugam air son e bhi 'g ar cuideachadh gus a mheirg a thoirt bhar ar cuid Gàilig. Tha beagan rann a rinn mi anns an aon chuibhrig ri so, agus ma shaoileas sibh gur fhiach e a chlo-bhualadh, faodaidh sibh sin a dheanamh. Mur fhiach, deanaibh ris mar is àil leibh. Tha coig bliadhna deug air fhichead o'n thainig mise do 'n dùthaich so, agus bha mi iomadh bliadhna dhe sin nach robh mi a' cluinntinn no a' bruidhinn mo chainnt fhéin. Ach a nise tha mi 'n dòchas gu'm bi i fàs na's fhearr agam, a chionn gu bheil muinntir eile an so a labhras i. Is mi ur charaid,

LAMH DHEARG.

<eng>Portage la Prairie, Manitoba,<gai> 25mh de October, 1897.

Bha coinneamh anns a' bhaile so air an t-seachdain s'a chaidh, agus mar an ceudna ann an Sidni Tuath, aig 'n do labhair Prof. Hopkins, agus B. W. Chipman mu ciod a ghabhadh deanamh gu factoridhean ime a thogail 'sa chur air obair an Ceap Breatunn. Tha factoridhean dhe'n t-seòrsa sin a' deanamh feum mor ann an àiteachan eile, agus cha'n eil fhios car son nach biodh feadhainn air an cur air obair anns an eilean so. Tha cearnan de Cheap Breatunn a tha anabarrach freagarrach air son deanamh ime, ach air son im a dheanamh cho math 's gu'n dean e ainm agus pris dha fhéin anns a' mhargadh, feumar na seann dòighean a leigeadh seachad, agus dòigh ùr a ghabhail dha. Cha'n eil iadsan d'an aithne im math a dheanamh ach gann, agus air sàilleabh sin tha im nam factoridhean a' faighinn pris moran na's fhearr na im na dùthcha. Tha e soilleir gu leòr, ma tha tuathanaich na dùthcha so air son pàirt de'm beòthachd a dheanamh air im, gu feum iad factoridhean a chur air obair. Mur deanar sin caillidh iad air gu dona. Tha dochas againn gu'm bi àireamh fhactoridhean air an cur suas an Ceap Breatunn air an t.samhradh s'a tighinn.

Tha Sir Wilfred Laurier agus Sir Louis Davies an dràsda ann a <eng>Washington<gai>, a' feuchainn ri tighnn gu còrdadh ri luchd-riaghlaidh nan Stàitean a thaobh nithean a tha 'cur eadar iad féin us Canada. Tha àireamh nithean dhe'n t-seòrsa sin ann, agus nam biodh am prìomhair agus Davies comasach air eadhon aon dhiubh a chur as an rathad, bhiodh mhuinntir Chanada gle bhuidheach dhe'n turus: cha'n eil miann sam bith aig muinntir na dùthcha so a bhi nan naimhdean do'n t-sluagh a tha comhnuidh a deas orra, agus mar a's luaithe bhios gach ni a tha togail aimhreit eatorra air a thoirt air falbh 's ann a's fhearr.

Tha iad ag radh gu bheil mèinn Ghowrie ri bhi air air a dùnadh an ùnie ghoirid. Tha mar sin da mhéinn ri bhi air an dùnadh air air a' gheamhradh so, agus iadsan a bha deanamh am beòthachd annta air an tilgeadh á obair. Tha e gle bhochd a leithid a bhi tachairt, ach faodar a thaing a thoirt dhaibhsan a thug comas do'n chuideachd na mèinnean uile bhi fo'n laimh, gus an ni a thogradh iad dheanamh riutha. A reir coltais, cha'n eil dòigh a nise air a chùis a leasachadh; 's fheudar cur suas leis gach ni a thaobh nam méinnean a chi na sealbhadairean iomchuidh.

DEAGH CHOMHAIRLE.—Bha gille beag ann an Glascho aon latha 'dol seachad air tigh-òil, agus a chù còmhlà ris. Bha dorus an taigh-òil fosgailte, agus gu de rinn an cù bochd 'na aineolas ach a dhol a stigh. Ach bha a mhaighstir gu h-ealamh as a dheigh, 's thug e air tilleadh a mach, aig an am ceudna a' toirt na comhairle leanas air: "Thig a mach a Chulaidh, 's na bi toirt maslaidh air an teaghlach le bhi dol do leithid a dh' àite."

Tha Murchadh Mac Rath, a bha o chionn àireamh bhliadhnaichean air ais 'na chléireach fo'n Ard-Riaghladh ann an Ottawa, an deigh an dreuchd sin a leigeadh uaithe, agus tha e nise 'na fhear cumail leabhraichean do'n Choirneal Ruairidh R. Mac Gillfhinnein, ann an Cornwall. Buinidh Mr. Mac Rath do'n eilean so.

Chaidh deuchainn a chur o chionn ghoirid air an stuth a thathas a faotainn ann an "Uamh an Oir," ann a Hogamah, agus fhuaradh anabarrach beairteach e. Tha an stuth gle phailt, agus ma tha e uile cho math ris a' chuid a chaidh fheuchainn, ni e daoine saibhir dhiubhsan aig am bheil còir air.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an am cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradir air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghall aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa.
'GAN CREIC SAOR.

[TD 165]

[Vol. 6. No. 21. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha muinntir Halifacs an deigh sia mìle deug dolair a chur gu muinntir Windsor o'n chaidh am baile sin 'na theine. Chuir baile <eng>New York<gai> coig mìle deug dolair g' an ionnsuidh.

'S e Dior-daoine s'a tighinn Latha Taingeachd. Bidh an latha air a chumail anns a bhaile so mar is àbhaist; bidh na taighean ceannachd dùinte, agus bidh seirbheis anns na h-eaglaisean uile.

Chaidh soitheach-seòlaidh a bhristeadh aig beul acarsaid Halifacs, oidhche Di-satharna, an siathamh latha de 'n mhios. Bha i air a turus á Manilla le luchd siucar. B' fhiach i mu cheud mìle dolair, agus bha i-fhein 'sa luchd air an call gu buileach.

Shil sia òirlich gu leth de dh' uisge ann an Nobha Scotia a cheud che'-la-deug dhe 'n mhios so, agus cha 'n eil teagamh nach do chuir na shil air an t-seachdain so òirleach no dha eile ris. Ann am mìos <eng>October<gai>, cha do shil de dh' uisge ach leth-òirleach.

Bha muinntir siorrachdan Richmond agus Arthabaska, an Cuibeic, a taghadh fir-pàrlamaid Di-satharna s'a chaidh. Fhuair <eng>Lavergne,<gai> an <eng>liberal,<gai> a stigh le trì ceud deug bhòt a bharrachd air an fhear a bha ruith 'na aghaich. 'Se bràthair dha a bha stigh roimhe.

Chaidh soitheach a mhuinntir Eilean a' Phrionnsa, d' am b' ainm "Janet A," a bhristeadh faisg air <eng>Fox Island, N. B.,<gai> oidhche Di-màirt air an t-seachdain s'a chaidh. Bha i luchdaichte le gràn agus buntàta. Chaidh trìùir dhaoine agus dithis bhoirionnach a bh' air bòrd a bhàthadh.

Thatar ag radh gu facas nathair-uisge mach o'n chladach eadar Mabou 'us <eng>Broad Cove<gai> air an t-seachdain s'a chaidh. Chunnacas i le iasgairean a bha mach ann am bàta, agus chuir i leithid a dh' eagal orra 's gu 'n d' thug iad gu tìr air ball. Tha iad ag radh gu robh coltas uamhasach air a' bheothach a bh' ann.

Thatar a' bruidhinn air coithional Mhira a roinn 'na dha pharaiste: an t-Aiseag agus Catalone ann an aon pharaiste, agus Drochaid Mharion ann am paraist' eile. Tha am paraiste, mar a tha e, anabarrach farsuinn, agus tha 'n obair gle throm air aon duine. Co-dhiubh nithear an roinn aig an àm so no nach dean, 's cinnteach nach teid moran bhliadhnaichean seachad gus an deanar i.

Tha mèinn <eng>Victoria<gai> ri sgur a dh' obair air a choigeamh latha deug dhe 'n ath mhios. Cha 'n eil sinn cinnteach co-dhiu tha no nach eil i ri bhi air a dùnadh gu buileach aig an àm sin, ach ma tha, cha bheag an call a chuireas e orra-san a tha 'g obair innte, 's aig am bheil taighean us fearainn timchioll oirre. Bhatar a' bagradh a mhèinn so a dhùnadh o chionn da bhliadhn' air ais, ach o'n a chaidh a cumail air obair cho fada, bha daoine 'n dòchas nach robh na bagraidhean sin ri bhi air an coilionadh.

Thatar ag radh gu bheil am beachd cuideachd a' ghuail laimhrig ùr a

thogail, astar beag a tuath air an <eng>"International."<gai> Bha muinntir a bhaile an dùil na 'n tigeadh air cuideachd a ghuaill an laimhrig air am bheil iad ag obair fhàgail, no na 'm fàsadh i tuilleadh 'us beag air son na h-obrach, gu 'n tòisicheadh iad air lòdadh aig an t-seann laimhrig anns a bhaile. Tha e coltach co-dhù, nach eil rompa sin a dheanamh idir, mur a cuirear impidh orra 's mur bi iad air an duaisneachadh leis a' bhaile. Tha e 'na chall mor do 'n bhaile nach eileas a lòdadh a ghuaill ann mar a b' àbhaist, agus bu chòir do mhuinntir a bhaile an dichioll a dheanamh air toirt air cuideachd a ghuaill am beachd a thaobh làrach na laimhrig ùr atharrachadh.

'Se eaglais <eng>St. George<gai> ann am baile Halifax an eaglais Phròtstianach a's sine tha 'n Canada. Chaidh a togail le òrdugh an II Seòras. Tha àite-suidhe do dha mhile pearsa innte.

Chaidh fear Uilleam Lair, ann an <eng>St. Martin's, N. B.,<gai> a thoirt gu cùirt o chionn ghoirid air son earball agus muing eich a ghearradh. Thug am Breitheamh Forbes dha trì bliadhna dhe 'n tigh-obrach ann an Dorchester.

Thuit fear Murchadh Hattie ann an réis-muillne ann an <eng>New Glasgow,<gai> Di-màirt air an t-seachdain s'a chaidh, agus cha robh e beò 'na dheigh ach beagan uairean de thim. Bu dhuin' òg e a mhuinntir Goshen, agus bha e gle mheasail.

Bha stoirm mhor shneachda ann an ceann a tuath <eng>New Brunswick<gai> mu mheadhon na seachdain s'a chaidh. Bha stad air a chur air na carbadan-iaruinn leis cho domhain 'sa bha 'n sneachda, agus bha eadhon an <eng>telegraph<gai> air a cur air aimhreit.

Tha 'n <eng>Senator<gai> Mac Aonghais gu bhi 'na Riaghladair air Columbia Bhreatunnach. Fhuair Mr. Mac Aonghais a bhreith us 'àrach aig Loch Ainslie, air an eilean so. Tha e o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean anns an t-Seanadh, agus bidh a luchd-dùthcha toilichte chluinntinn gu bheil e nise air a ghairm gu dhol suas na 's àirde. Tha mac dha na bhall anns an Ard-Phàrlamaid.

Air an naodhamh latha de 'n mhios so, ghabh dithis bhraithrean, Fred agus <eng>Harvey Elliott,<gai> ann am <eng>Bayfield, Ontario,<gai> an daorach; chaidh iad bhar a cheile, agus loisg Fred air a bhràthair, 'ga mharbhadh air ball. Tha e nise gu dhol as a rian le cràdh-inntinn air son mar a thachair. Cha 'n eil an so ach aon sgeul eile a nochdadh cho amaideach 's cho cunnartach 'sa tha e do dhaoine bhi beantuinn do 'n òl.

Chuala ar leughadairean uair us uair mu dheibhinn Durant, am fear a mhort caileag òg ann an eaglais an <eng>California.<gai> Tha còrr us da bhliadhna o'n thugadh a mach binn a bhàis, ach le innleachdan an luchd-lagha fhuair e as o'n chroich o am gu àm. Ach a nise, mu dheireadh thall, tha e air call air gach dòigh, agus cha 'n eil innleachd aige air faotainn as na 's fhaide. Bi'dh e air a chrochadh an ùine gle ghoirid.

Fhuair an t-Urr. Dr. Jost, ministear Methodach a' bhaile so, sgeula-bàis mic dha, an t-Urr. U. B. Jost, a chaochail ann an Chicago deireadh na seachdain s'a chaidh. Bha e dol do 'n cholaiste ann an Evanston, baile beag faisg air Chicago, nuair a bhuaileadh e le tinneas a thug a bhàis. Cha robh e anns an ospadal ach mu shia latha 'nuair a chaochail e. Bha e 'na dhuin' òg a bha gle ghealltanach, agus cha robh neach aig an robh eòlas air nach robh duilich sgeul a bhàis a chluinntinn. Thugadh a chorp dhachaidh do Shidni agus bha e air adhlacadh ann an cladh <eng>Harwood Hill,<gai> 'sa mhaduinn an de.

Bha eaglais <eng>St. Andrew's<gai> air a h-ath-fhosgladh la na Sàbaid s'a chaidh. Bha àireamh mhor sluaigh cruinn, agus thugadh searmon briagha dhaibh leis an Urr. T. C. Jack, agus searmon Gailig an deigh sin leis an Urr. Mr Forbes. Bha Mr. Jack air a chuideachadh anns an t-seirbheis leis an Urr. E. B. Mac Raing. Aig tri uairean feasgar bha seirbheis air a cumail do 'n chloinn. Aig seachd uairean shearmonaich an t-Urr. H. B. Smith, am ministear Baisteach, agus an eaglais air a dòmhlachadh le sluagh. Oidhche Di-màirt shearmonaich an t-Urr. Mr. Gale innte do choithional mor, ged a bha 'n oidhche car stoirmeil agus fliuch. Tha an eaglais ag amharc gle mhath o'n chaidh a meudachadh, agus tha dòchas againn gu 'n soirbhich gu math leis a choithional a tha 'g aoradh innte.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai>

Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim,
.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher<gai> "Mac-Talla,"
<eng>Sydney, C. B.<gai>

[TD 166]

[Vol. 6. No. 21. p. 6]

(Air a leantuiun o thaobh 163.)

chuairtich iad an rìgh, a bha nis air fas 'na phroidseach tapaidh,
comasach air 'each féin a mharcachadh. Thug Craighton le
mòigheanachd 'us min-chainnt air an rìgh aontachadh ri dhol comhladh
ris féin a Dhuneidin, far am biodh e saor o'n chuing 's an robh e
nis, agus am faigheadh e cothrom na nithe a thogradh e féin a
dheanamh. Mharcaich iad do Dhuneidin, co luath 's a dheanadh
ainmhidhean e, 's bha iad 's a' chaisteal mu 'n cuala riaghlair
Shruileidh ciod a thachair.

(Ri leantuinn.)

Innsean na h-Airde 'n Ear.

Tha cogadh cruaidh fuileachdach a nis eadar Breatunn 'us rioghachd
farsuing <eng>India<gai> agus eadar na finneachan iargalta easgaidh
a tha a' tùineachadh ann an iar-thuath na duthcha theith iomraitich
ud. Is ann do na Himalaya-druim daingean, 'us àrd, 'us farsaing an
t-saoghail-a bhuineas na cnuic 'us na glinn, 'us glaic, anns am
bheil cath eagallach a nis a' dol air aghaidh. Tha sgoilearan ag
innseadh dhuinn gu bheil am facal Himalaya 'ciallachadh dachaidh an
t-sneachd. Tha gun amharus, uamhas sneachd 'us reothaidh daonnan air
mullach nan cnoc anabarrach ard 'us creagach a tha 'nan didean
diongmhalta bho 'n eas gus an iar ann an taobh mu thuath
<eng>India<gai>. Tha Gaidheal geur-inntinneach a's aithne dhomhsa ag
radh gur e fìor-bhrìgh an fhocail Himalaya Tha mi le Dia; gur e
focal Gaidhlig a tha ann air an doigh so, agus gu bheil e 'sparradh

oirnn cia co arduichte os cionn comhnardan na talmhainn, 'us cia co eadar-dhealaichte bho dhachaidhean an t-saoghail 's a tha mullach aonaranach 'us sneachdach nan cnoc tiugh 'us ard ud. Bha e daonnan duilich buaidh fhaotainn air daoine 'rugadh am measg nam beann agus a bha mar so min-eolach air gach cos, 'us creag, 'us uamh, 'us comhnard, 'us aird, 'us ionad fasnach 'us falachaidh a tha lionmhor air feadh aitean cnocach gach tire. Ged fhuair Agricola lamh an uachdair air na seana Ghaidheil aig an robh an gaisgeach Galgacus, an Gaidheal gagach mar cheannard, cha do chiosnaich feachd nan Romanach Gaidheil Albuinn riamh. Da rìreadh is dàn an coileach air a dhunan fein, agus air an aobhar so o'n bha na Gaidheil co seolta, sgiobalta, teoma, am measg frithean, 'us cnoc, 'us lointean an dùthcha fein, cha robh e comasach do na Romanaich, treubhach, aghartach ged a bha iad, buaidh fhaotainn air na Gaidheal luath-chasach, lamhach. Thionndaidh feachd nan Romanach air falbh bho chnoic 'us bho chomhnardan Albuinn. Cha 'n ann gun aobhar sonruichte a tha na Gaidheil daonnan proiseil do bhrìgh nach b' urrainn do shaighdearan na Roimhe, a chiosnaich an saoghal gu leir, iadsan a chur fo smachd no fo cheannsal. Is e Iarla Eilghinn, Albannach òg, gasda, a tha nis 'na ard-uachdaran anns na h-Innsean. Is e fìor-fhuil uasal chraobhach Raibert Bruis a tha ruith 'na chuislean. Bha athair aon uair bho cheann da fhichead bliadhna 'na uachdaran ann an Canada ard agus iosal, agus bha e glic, tapaidh agus ealanta. An deigh dha Canada fhagail chaidh e do <eng>China<gai>; 'us bha e fadheoidh a riaghladh <eng>India<gai> le gliocas 'us eolas 'us neart iongantach an uair a thainig crìoch air a bheatha ann an Caishmere. Tha 'n t-Iarla og a' dearbhadh gu duineil foghainteach gu bheil fuil Bhruis a chuir an cath 's a thug a bhuidhe air na Sasannaich uaibhrich, mhosach, aig Allt a' Bhonnaich, fathast glan 'us blath 'us euchdach ann an cridhe 'n ard-uachdarain ris am bheil cuisean cudthromach <eng>India<gai> 'nis an earbsa.

Anns na h-Innsean ud, tha gathannan na greine teith 'us loisgeach. Tha 'n talamh torach, ma gheibh e pailteas uisge 's taisealachd. Mur tuit frasan troma anns an àm iomchuidh, cha chinn feur no fochann, agus cha bhi fogharadh brioghmhor ann. Bha gort uamhasach ann an cuibhrionn mhor de na h-Innsean bho cheann bliadhna. Gheibheadh miltean bas le gort mur faigheadh iad biadh 'us cuideachadh. Rinn an Iarla 's a luchd-comhairle spairn dhileas, dhurachdach, agus shoirbhich leo ann an saoradh moran sluaigh bho 'n bhas a bheireadh gort no dìth bithidh orra. Chuir Breatunn muillinn punnd Sasunnach airson biadh a cheannach do na h-Innseanaich thruagha 'bha fuiling bho 'n ghort eagalach a bha 's an tìr aca. Chuir Canada gu toileach, faoilidh, suim mhor airgid a dh' ionnsuidh nan Innseanaich ann an àm an airc 's an acrais. Tha 'ghort a nis seachad. Thuit frasan troma, lionmhor, agus tha na h-achaidhean a bha an uiridh gun fheur gun arbhar, a' giulan toradh suilbhir pailt.

Tha iomadh neach a' foighneachd carson a rinn na fineachan ann an iar-thuath na dùthcha àramach co nimheil, brùideil. Tha luchd-riaghlaidh <eng>India<gai> 'tabhairt duaisean luachmhor do rìgh Afghanaistean agus do chinn-feadhna nam fineachan a tha 'comhnuidh an taobh mu thuath na dùthcha. Air an doigh so tha uachdarain <eng>India<gai> 'faotainn cairdeis bho na daoine borb ud, agus 'g an

cumail o bhi 'deanamh uilc 'us aimhreit 's o bhi 'toirt aoidheachd do naimhdean Bhreattuinn. Tha luasgadh fuathasach aig an àm so air feadh luchd-leanmhuinn Mhahomait, agus tha 'n cridheachan bosdail 'us uaibhreach o'n tha 'n Sultan iargalta, callaidh a' deanamh eucorach narach, eagalach, agus a' cur g' an dubhlan le sgeig thaireil, rioghachdan 'us righrean na Roinn-Eòrpa gu leir. Tha sagartan no cinn-iuil nan daoine fiadhaich aig am bheil an aite-comhnuidh ann an cnoic 'us an ionadan iomallach, creagach, uaigneach, duaichni na h-àirde 'n iar thuath ann an <eng>India<gai>, 'creidsinn gu bheil an t-àm a nis ann, anns am feum iad an saorsa fein a' chosnadh agus crìoch a chur air ughdarras <eng>India<gai> 'us Bhreattuinn. Tha daoine eile 'creidsinn gur iad na Ruisianach a tha 'fadadh suas aramach 'us aimhreit air feadh nan fineachan a bha roimhe so 'n an cnoic 's nan glaic chnapach, chlachach, uaigneach fein, 'n an cairdean do Bhreatunn co fad 's is urrainn doibh cairdeas a nochdadh do neach no do rioghachd air bith. Ni mi iomradh anns an ath litir air na cùisean so. Tha e soilleir gu leoir gu faigh na Breatunnaich 'us na h-Innseanaich dhileas buaidh anns an aramach so. Is e Albannach curanta, neo-sgathach, a tha anns an ard-cheannard Lockhart, agus tha gaisgich fhoirmeil, chruadalach leis. Nach maith 'us nach ro-mhaith a fhuaradh leis na Gaidheil Ghordanach. Co 'n Gaidheal thall no bhos aig nach eil meas mor air a phiobaire a chluich gu dileas, gaisgeil, puirt a thug misneach do na saighdearan, ged bha e fein a' fulang iargainn eagalach, oir bha e air a leonadh na dha chois. Buaidh 'us piseach air a phiobaire mhearganta. Thugadh iad urram 'us onoir gu pailt dha.

CONA.

Sgialachd na Tròidhe.

DUAN I.

IOMARBHAIDH AN AICHILL AGUS AGANEMNON.

Suim.—Bho shean bha a' Ghréig uile air a roinn na dùthchannan, 's i fo fhlaithreachd cheann-feadhna, coltach ris a' Ghàidhealtachd romh bhliadhn' a' chomhaich (1745). Mu dha chiad diag bliadhna romh thighin Chrìosta, an uair a b' e Agamemnon rìgh Argois, agus Menelaus a bhrathair rìgh Sparta, chaidh Paris, d' am bu cho-ainm Alastair Oig mac rìgh na Tròidhe, air chuairt do 'n Ghrèig, agus thug e air fuadach leis Helen, bean Mhenelauis, an t-aon bhoirionnach a bu mhaisiche a bha beo 's an linn sin. Ghabh na Gréugaich tàmailt anabarrach, agus gu aichmheil a thoirt a mach thog iad de armailt na luchdaich dà chiad diag long-chogaidh; agus leis a' mhor fheachd so sheòl iad gu rìgheachd na Tròidhe, ris an abrar an diugh Tuirc thuathach Aisia. Bha an cogadh deich bliadhna air chumail; agus mu dheireadh, an deaghaidh ni gun àirimh de ionmhas a chaitheamh agus moran fala a dhòrtadh taobh air thaobh, ghlac na Gréugaich baile na Tròidhe, 's loisg iad e gu làr.

Tha ciad duan na h-oibre so a' toiseachadh air an t-seanchus aig toiseach an deicheadh earrach bho thùs na h-iorghuille. Ghlac na

Gréugaich cuid de bhailtean-dùthcha na Tròidhe, agus thiomsaich iad mòran cobhartaich. An àm a bhi roinn na criche thàinig air rìgh Agamemnon boirionnach òg, àluinn d' am b' ainm Chriseis, nighean Chrises, sagart Apollo. Thugadh Briséis, nighean mhaiseach eile, do Aichioll mòr mac Pheleuis, ciad lamh-fhéuma na Gréige. Thàinig sagart Apollo do long-phort na Gréige a dh' iarraidh a nighinne air Agamemnon. Ach dhiùlt an rìgh e, agus mhaidh e gu h-ascaoin air. Ghabh Apollo corruich, agus tharrainn e plàigh air an arm Ghréugach a chionn nach d' thug iad an t-urram dligheach do Chrises. Cho-ghairm Aichioll comhairle nan

[TD 167]

[Vol. 6. No. 21. p. 7]

ceannard, agus fhuaradh a mach bho 'n fhàidh Calchus gu'n d' thàinig a' phlàigh a thoradh na tarchuise a rinn Agamemnon air an t-sagart 's gu 'n do dhiùlt e a nighean da. Tha 'n duan an sin ag cur an céill mar a throd Aichioll agus Agamemnon mu 'n dà bhoirionnach, mar a chuir Agamemnon dhachaidh nighean an t-sagairt, mar a thug e Briseis bho 'n Aichioll le fòir-neart, agus mar a sgaradh e fhein agus an t-Aichioll bho chéile an teas feirge an lorg na brionglaidhe.

An deaghaidh do 'n chomhairle sgaoileadh rinn an t Aichioll casaid ri mhàthair, Thetis, té de bhan-diathan na fairge, a thaobh a' mhaslaidh a dh' fhuiling e bho 'n rìgh. Chaidh ise gu Olympus far an robh Iobh, àrd-fhlath nan dia 's nam ban-dia, agus ghrìos i air gu 'n cuireadh e leis na Tròidhich an aghaidh nan Gréugach, mar dhioghaltas. Gheall Iobh d'a réir, ach leis a' ghealladh thug e oilbheum d' a mhnaoi, Iuno, a thog lasan feirge. Dh' aisig Vulcan réit eatorra; agus chaith na diathan na bha rompa de 'n latha sin an cuilm-éibhneis.

Is e uile aimsir a chiad duain naoidh latha na plàighe, latha na comhairle, agus an da latha dhiag a rinn Iobh fuireach an Ethiopia, mu 'n deachaidh Thetis a chasaid ris. Is e an t-ionad-gnìomha an long-phort Gréugach, Eilein Chsisa, agus sliabh Olimpuis

Aithris, a bhan-dia nam fonn,
Fearg mine Pheleuis nan glonn àigh-
Fearg mhìllteach a chiùrr a' Ghréig
Le beud nan deich mìle cràdh;-
Fearg a sguab do 'n uaigh romh 'n àm
Ammannan dheich mìltean sonn,
An cuirp aig àr-choin an fhuinn,
'S aig ianlaidh nan spéur 'n am pronn.
B' e sid rùn an Dùilich àird:
Ach ciod bu cheannfàth do 'n strith?
C' uime chog an t Aichioll còrr
'S ciad-fhlath 'n t-slàigh bu mhor brigh?
Co de luchd-àitich nan spéur
A dhùisg àrdan nan tréun borb?
Mac Latona 'sgaoil a' phlàigh

'S lionmhor bàs a thàr 'n a lorg.
Las falachd an dé ga chionn;
Sgap a shaighdean sgrios gun bhaigh,
'S chàrn e marbh air làr an fhuinn.
Ràinig an sagart gun fheall,
Luath-chabhlach na Gréig' air tràigh,
Los inghean fhéin fhuasgladh saor,
Luigheachd nan luach daor 'n a làimh,
Crùn Apollo 's an Colbh òir;
'S dh' aslaich e 'n deagh ghean gu fòil,
Air mic Atreuis ghuidh e 'n tùs,
An da rìgh a stiùir na slòigh:
A dha cheann-riaghailt na Gréig'
'S fheachda tréun nan cas-bheairt cruadh'ch,
Grìosam air flaithean nan spéur
Gu 'n eirich leibh éuchd a's buaidh.
Chionn gu 'n leag sibh Tròidh 'n a smùr
Chionn gu 'n till sibh gu 'r dùthaich slàn.
Fuasglaibh m' òg nighean 's glacaibh duais
Air fiamh dia nan luath ghath bàis.
An sin dh' éubh le aon-ghuth na laoich
Modh dligheach do 'n Aosda dhiol,
Gu 'n grad-ghlachteadh 'n luigheachd chòrr
'S gu 'n deònaichteadh a réir a mhiann;
Ach, dh' aindeoin, cha d' impich crìdh'
Agamemnon, rìgh nan sonn,
Dh' fhògair e 'n seanfhear bho 'ghnùis
Gu neo-chiùin le bagradh trom.
As m' fhianais a sheanfhir bhaoth,
Bhàrr an raoin gun stad bi triall;
Rìst, ma thilleas, tuig nach féum
Crùn no colbh an dé gu d' dhion.
D' inghean cha leigim fo sgaoil,
Seal mu 'n crìon an aois a blàth,
'S i 'n lùchairt Argois an rìgh,
Fada cian bho thir a gràidh,
Cur leaba mo thaoibh air seòl,
'S air brat sròil a' dealbh nan gréis.
Mar sin na tog brionglaid fhaoin,
Ma 's miann leat dol saor a's béud.
Chrith an liauh, a's ghéill air ball,
Dh' fhalbh e 's osna gu trom, trom,
Romh 'n oitir bhàin le ceum fann,
Aig slios ioma-shloisreach nan tonn,
Ag imeachd grathuinn bho 'n t-sluagh
Thairg e suas an ùrnaigh dian
Do àrd Phoebus nan colg còrr,
Mac Latrona b' òrbhuidhe ciabh:
Ardrìgh a' bhrìgh'-airgid, éisd,
D' an rùn Cilia 's céutach bàrr,
Tenedos do d' neart gu 'n géill,
'S Chrisa 'g éibhneas fo d' chaoìn bhlas.
Riabh, ma chroch ni 'd theampull àigh,
Lus-chrùn ùr a b' àillidh dealbh;

Riabh ma chnàmh air d' altair ghrinn,
 Sléisdean ìgmhor bhoc a's tharbh;
 Eisd rium, Apollo nam buadh,
 Air m' an-shocair chruaidh dian fóir;
 Taosg do shaighdean calgach, géur,
 'S dioghail air a Ghréig mo dheòir.
 Chual Apollo 'n acain-bhròin;
 An fhearg mhìllteach bhochd 'n a chliabh;
 A nuas le cruaidh Olimpuis àird,
 Thùirling e 's bu ghabhaidh thriall.
 Bogh' air ghléus mu 'ghuaillibh àigh,
 Balg fo làn-uidhim ri thaobh,
 Chluinnteadh 'n a imeachd, 's gach ceum,
 Fuaim ghliograch nan réub-bhior caol.
 Mar oidhche nan sian a ghreann,
 'S e teannadh a chòir nan long;
 Thilg e chiad urchuir 'n a deann,
 Thorchuir an tùs 'iuthaidh ghrag
 Mhìledeoin is geal-shoin luath,
 Fad a's liad a' chaimp 'na dhéigh,
 Fhrois e 'n t-éug am measg an t-sluaigh.
 Bu lionmhor air lom a bhlàir
 Teintean-soillse cràmh nam marbh;
 Naoidh làithean gun mhearrachd gleòis,
 Sgap Apollo 'n dòrlach searbh.
 Cho-ghairm air an deicheamh là,
 Deagh mhac Pheleuis an làn-fheachd;
 An diol le Iuno bu truagh;
 B' ise ghluais an smuain 'n a bheachd.

GEUR-FHREAGAIRT.—Bha duine ann an aon de bhailtean na seann dùthcha uair aig an robh mar chleachdadh a cheann a bhi crom 'nuair a bhiodh e gabhail an rathaid. Aon latha thachair seòrsa de dhuin-usal air, a thuirt ris: “A Sheorais, a dhuine, car son a tha thu cumail do chinn cho crom? Tog do cheann 's coisich dìreach, mar a tha mise.” “Am bheil mo cheannsa bhi crom a' cur ioghnaidh ort?” arsa Seòras; “seal thusa air a phàirc eòrna ud thall, agus thoir fa-near; a h-uile dias a tha abuich agus làn de bhiadh, tha a cheann crom, dìreach mar tha mo cheann-sa; ach iadsan anns nach eil ni ach na plaosgan, tha iad a' cumail an cinn suas mar a tha thusa.

Cuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA. Cha 'n eil e cosg ach dolair 'sa bhliadhna, agus gheibh thu na tha gun ruith dhe 'n bhliadhna so a nasguidh.

Feuch ri do choimhearsnach a thoirt gu bhi 'gabhail MHIC-TALLA. Ma ni thu sin, cuiridh tu comain mhor air.

A. J. G. MacEachuinn,
 Fear Tagraidh. Comhairliche

Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 168]

[Vol. 6. No. 21. p. 8]

Laoidh.

Fad as o shiantan dorch an t-saogh'l,
Tha glòir nach traoigh gu bràth,
Is ionaid sona thar gach smaoin,

Nach léir do dhaoine 'n tràths'.

Am fearann àlainn, fada, cian,
Na 'n tuigteadh trian d' a àgh,
Ghrad dhùisgeadh ann ar n-anam miann
Bhith 'n sin gu sìorruidh tàmh.

Chaidh cha bhi tinneas ann no péin,
'S cha chluinnear éigh luchd-bròin;
Bidh slaint' is òig' ann feadh gach ré,
'S gach teang air ghléus gu ceòl.

Gu soilleir, dealrach, feadh gach uair,
A' ghrian cha ghluais fo nèul,
Oir peacadh, sìol gach uile thruaigh,
Cha téid a suas do nèamh.

Cha bhi ann oidhche feadh gach ial,
'S cha bhuaile a' ghrian 's an la;
Oir glòir a' teachd o chathair Dhia,
'S e sin an grian gu bràth.

Leomag.

Tha ghrian a nis air eirigh,
A's sgaoil o na sleibhtean an ceo;
'S tha solus suilbhear an latha
A' dusgadh aighir anns gach beo.

Tha 'n uiseag air sgiathaibh lùth'or
A' seinn a ciuil air aird nan speur;
'S a' chuthag, le 'deise chùl-ghuirm,
A' gairsinn le sùrd air a' gheig.

Tha na laoigh a' ruith do 'n bhuaile,
A' freagradh do nuallan nam bò;
'S a' bhanarach a' falbh gu h-uallach
Le cuinneig a's buarach 'n a dòrn.

Tha 'n tuath'nach as a léine
A' gearradh an fhéir air an raon,
A's buidheann de nighneagan sunndach,
Gu deas 'g a thionndadh 's a' ghaoith.

Tha na h-iasgairean 's a' chladach,
Gu h-ealamh a' sailleadh an eisg-
Chi mi thall 's a bhos m' an cuairt domh,
Gach creutair a' gluasad gu feum.

Ach tha Leomag bhochd 'n a laidhe
An glacaibh a' chadail gu dluth;
'S gus am buailear an clag-madainn,
Cha 'n fhosgail i baltan a sùl'.

'S duilich leath' a ceann a ghluasad
Bho 'n chluasaig d' an chanach mhìn;
'S cha leig i 'n t-aodach dheth a h-uachdar,
Le eagal fuachd 'thigh 'n air a druim.

Ni i dha no tri de mhianain
M' an cuir i a troidh air an làr;
'S m' an dean i a h-aodann ionnlad,
'S eiginn do 'n bhùrn a bhi blàth.

Bidh botail de ola cubhraidh
'N a steathan dlùth air a' bhord;
'S bocsaichean cuimir le fùdar,
Tha aice gu sgùradh a beoil.

'N uair a theid i 'n a lan ordugh,
Cha 'n fhaicear cho boidheach 's an tìr;
Am faile 'tha 'sgaoileadh 'n a seomar,
'S e "otto nan ros" e, air chinnt!

Ciod an iomhaigh tha 'n a coinnimh,
Anns an sgàthan shoilleir, reidh?
'N e 'cruth fein a tha i coimhead,
No aingeal sholuis as an speur?

Tha cneapanan buidhe d' an òmar
M'a muineal geal, mòdhar, min;
A's ciabhan d' an fhalt is aillidh,
'G an cumail 'n an aite le cir.

Air a broilleach uasal, gasda,
Tha bràiste maiseach d' an òr.
A's saighead chorrnach 'g a ghlasadh,
Leis an spadadh i na seòid.

Thoir an aire! gluais gu sicir!
'S na bi idir 'tigh'n 'n a coir;
Chi mi, as aonais fios-fiosaich',
Fuil do chridhe air a smeoirn!

Fire, faire! co ach Leomag!
'S i thogas a sroin a suas,
O'n fhuair i urram na boidhchead
Thar nan oighean 'tha m 'an cuairt!

Tha na h-uile uimpe 'seanchus,-
Fleasgaich chalma 's bodaich mhaol;
'S is lionmhor iad, na gaisgich ainmeil
'Cheangail i 'm failbheagan a' ghaoil.

Ann am measg nan gillean oga
A thainig do Leomag fo chis,
'S aithne dhuibh Fionnladh Mac-Leoraidh

Tha 'chomhnuidh am braigh a' ghlinn.

Tha Fionnladh 'n a ghille surdail,
Agus grunndail anns gach doigh,-
Tha aige fearunn agus feudail,
Le iomadh treud de chaoraich-mhor.

Bha Leomag, air latha faoilich,
Ag imeachd 'n a h-aonar troimh ghleann,
Shil an t-uisge sheid na gaothan,
'S ard a dh' eirich gaoir nan allt.

Thainig na frasan gu minic,
Le clacha meallain nimheil, cruaidh,
A's dh'fhagadh Leomag 'n a gibein,
An impis a milleadh le fuachd.

(Ri leantuinn.)

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

Agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Taillear.

SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>

Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN

direach as na muillnean.

(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)

TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.

Am bathar a's fhearr air na prìsean a's isle an coinneamh AIRGEID.

ALASDAIR MARTUINN.

Sidni, C. B., <eng>Sept. 1, 1897.<gai>

[TD 169]

[Vol. 6. No. 22. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 26 NOBHEMBER, 1897. No. 22.

Seana Chleachdaidhean Gaidhealach.

LE IAIN MAC 'ILLEATHAIN.

[Paipear a bh' air a leughadh aig Ceilidh na h-Ard-Sgoile an Glascho.]

Fhir na cathrach, a mhnathan uaisle, agus a dhaoin'-uaisle:-

Mar dh' innis 'ur ceann-suidhe urramach dhuibh cheana is e paipear air Seana Chleachdaidhean nan Gaidheal a tha mi 'dol a leubhadh dhuibh an nochd, ach ged is e Seana Chleachdaidhean a th' air mo phaipear ma dh' fhaidte gu 'n abair sibh nach bu choir dhomh a leithid de dh' ainm a thoirt air, o'n nach eil mi 'dol na 's fhaide air m' ais na mu leth-cheud bliadhna, ach shaoil mi gu 'm bitheadh e fada ni b' fhearr dhomh cunntas a thoirt air na chuala mi bho shean dhaoine a chunnaic le 'n sùilean fhéin na nithean a bha iad a' bruidhinn ioma. Mar a tha fios agaibh uile, tha an doigh fhéin aig gach cearn de 'n dùthaich air na seana chleachdaidhean a chumail suas, agus is ann mar a bha iad air an cumail suas ann an Eilean Thireadh, mu 'n àm a dh' ainmich mi, a bhitheas a' chuid a's motha de m' phaipear. Mu 'n teid mi na 's fhaide air m' aghaidh, is fhearr dhomh aideachadh nach eil mo Ghàilig fhathast ach gle cham, chrùbach, agus tha dochas agam gu 'n gabh sibh mo leithsgeul, oir cha 'n eil e furasda do neach a thogadh ann an Glascho, Gailig mhath a bhi aige. Is e a' chiad rud a bheir mi sgrìob air, agus tha mi cinnteach gu 'n co-aontaich sibh leam gur e an dearbh rud a b' fhreagart, se sin Céilidh anns a' Ghaidhealtachd o chionn leth-cheud bliadhna.

CEILIDH.

Aon oidhche, mu dheireadh a' gheamhraidh, bliadhna bha sid, bha Alasdair mor a deanadh deas a dh' fhalbh a mach, b' fhuasd' aithneachadh nach robh e idir toilichte, ged a bha 'cheann crom 'us

e 'cur air a bhrògan, oir bha 'bhean trang a' trod ris, esan a falbh 'n a amadan a sid 'n a so feadh a' bhaile comhla ris na balaich bheaga, gu 'n robh an t-àm aige nis fas glic. Esan an sean bhodach liath a bhi dol air cheilidh, ach mar a bha fòrtan caoimheil do Alasdair cha d' fhuair i na 's fhaide air a h-aghaidh 'chionn thainig guth 's an dorus a thug orra tionndaidh le cheile 'dh' ionnsuidh an doruis. "Beannachadh a so!" thubhairt am fear làidir, calma, a bha 'n a sheasamh anns an dorus. "Beannadh dhuibhse," fhreagair bean an taighe, "thigibh a stigh." Grad dh' eirich Alasdair mor 'n uair a chunnaic e co bha 'tighinn a stigh, 'us rug e gu cridheil air laimh air—"An tu 'th' ann a Dhomhuill? Is mi tha toilichte d' fhaicinn; de chuir thu an rathad so an nochd? Tha dochas agam gu 'm bheil sibh uile gu math aig an tigh?" "Taing do 'n Fhreasdal tha sinn uile gu math, gun dith, gun deireas; am bheil iad gu math agaibh fhein?" "Tha sinn mar a tha sibh g' ar faicinn, gu socair, sona; ach gu de 'chur sibhse cho fada bho 'n tigh?" "'S e 'chur an rathad so an nochd mi gu 'n do leag na Gaidheil, mo ghaisgich!" Sebastopol, agus tha mi 'dol suas far am bheil am paipear 'los gu 'n cluinn mi le m' chluasan fhein gur e 'n fhirinn a th' ann." "Dean suidhe, a Dhomhuill, 's ann a sin a tha mi fhìn a dol an nochd, agus ma dh' fhuricheas tu gus am bi mi deas, theid sinn comhla."

Shuidh Domhnull, agus fhad 'sa bha Alasdair ag cur uime aodaich thug e greis air seanachas le Peigi, a bhean. Cha robh Alasdair fada gus an robh e deas, agus ghabh iad an rathad gu tigh Iain duibh, Domhnull ag gealladh gu 'n taghladh e a stigh air an rathad dhachaidh. Cha robh iad fada gus an d' rainig iad tigh na céilidh agus chaidh iad a stigh. Bha Iain dubh e fhein ag càradh nan lion. Seonaid ni'n 'Illeasbuig, bean an taighe, a' sniomh clòimhe, a' chuidheal a ruith le srann fonnhor, na h-igheannan ag càrdadh no fighe stocaidh, agus an tigh cho làn 's a chumadh e o oisean gu oisean le daoine sean 'us òg, a thainig a dh' éisdeachd ri Iain dubh a' leughadh a' phaipear-naigheachd, oir cha robh paipearan-naigheachd cho lionmhor aig an àm ud anns a' Ghaidhealtachd 's a tha iad an diugh, agus cha robh ach fìor fhear ainneamh aig an robh sgoil Bheurla a b' urrainn na paipearan a leughadh. Dh'eirich fear an taighe, agus chur e failte chridheil air 'ar da charaid, "Thigibh a nuas, is mi tha toilichte d' fhaicinn, a Dhomhuill, gu de 'ghaoth shodaich sibh an rathad so an nochd?" "Thainig mi a dh' fhaotainn sgial air a' chogadh, chuala mi gu 'n deachaidh aig Breatunn 's an Fhraing air na Ruisianach mu dheireadh?" "Rinn iad an gnothuch air mu dheireadh thall-fiach a nall na paipearan, a Shìne, cha 'n fhuirich sinn na's fhaide." 'Nuair a' chual' a' chuideachd so, stad an fheala-dha 's an lachanaich, agus dh' fhas iad cho seimh, sàmhachd, 'us cha chluinneadh tu diog aig duine. Thòisich fear-an-taighe agus leugh e 'mach as a' phaipear sgialachd a' chogaidh o thoiseach gu deireadh, agus chluinneadh tu an drasd' 'us a rithist, 'n uair a bhrìst na Ruisianaich a stigh air càmp nam Breatunnaich, 's a bha iad a sgapadh, 's a marbhadh air gach taobh, "Och, Och! mo chreach! Mo thruaighe!" Ach 'n uair a chual' iad mar a streap na Gaidheil ballachan Shebastopoil 's a chur iad an ruaig air na Ruisianaich, dh' eirich a leithid de shòlas 's de bhualadh-bhas 's gu 'n do chur e stad air an leughadair, agus airson greis cha robh e

'na chomas dol air aghaidh le 'leughadh. 'N uair a leugh e dhaibh na bha anns na paipearan-naigheachd, thug e 'mach as na paipearan dealbhan agus chaidh iad o laimh gu laimh a measg na cuideachd. An deigh dhaibh a bhi treis ag amharc orra thòisich na sean daoine air beachdachadh air a' chogadh a bha nis air tighinn gu crìch. "Gu dearbh is mi tha toilichte gu 'm bheil sith a nis air a' dheanadh, cuiridh so na luingeas-chogaidh dhachaidh do Shasunn, ged nach tilleadh iad," arsa sean duine beag, liath, a bha 'na shuidhe aig taobh thall an teine, "cha bhi iad na 's fhaide ag cur eagail air mo mhnaoi a h-uile oidhche le tàirneanach nan gunnacha mora, gus a' bheil i bratha dol as a ciall. Tha mi air m' uamhasachadh gu 'n cuir iad a stigh an taigh mu m' cheann mur an stad iad gu grad." "Is e buaireas mor a th' annta gun teagamh, Iain, ach gu de dheanamaid na 'n d' thainig na Ruisianaich oirnn?" "Tha sibh a gradhainn na firinn 'Illeasbuig, ach tha mi creidsinn nach do chuir iad fhathast a leithid de dh' eagail air daoine 's a chuir Domhnull Mac 'Illeasbuig, 's an <eng>'concertina'<gai> air muinntir a bhaile shuas," arsa fear-an-taighe le fiamh a' ghaire air aodann. "Chuala mi ioma sin," thuirt Iain, "ach am bheil fios agaibh cia mar a fhuir e an <eng>'concertina?'<gai> Chuala mi gur ann airson cleas air choreiginn a rinn e an uair mu dheireadh a bha e ann an Glascho?" "Is e gille nan cleas e, da rìreadh," thuirt Seumas bàn, "innsidh mise dhuibh cia mar a fhuair e an <eng>'concertina'<gai>: Chaidh e a stigh do bhuth ann an <eng>Jamaica Street<gai> a' cheannach boineid d'a phiuthair; thuirt an té a bha 'creic na boineid ris, 'An cuir mi air mo cheann a' bhoineid gus am faic thu cho briagha 's a sheallas i?' 'Cuiridh mi orm fhìn i,' thuirt Domhnull, 's chi thu gu 'n

(Air a leantuinn air taobh 173.)

[TD 170]

[Vol. 6. No. 22. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN—UAISLE.

CAIB. XXI.

"O chionn corr is tri bliadhna chualas anns a bhaile so gu leir guth eagallach, mar ghuth tairneinich, ag radh:—'A luchd-aiteachaidh, sguiribh a thoirt aoraidh do Nardoun agus do 'n teine, agus deanaibh aoradh do 'n Dia sin a mhain a tha comasach air trocair a nochdadh.'

"Chualas an guth so bliadhna an deigh bliadhna o'n uair sin, ach cha do chuir neach sam bith suim ann; agus air an latha mu dheireadh de'n bhliadhna, aig ceithir uairean 's a' mhaduinn, bha muinntir a' bhaile gu leir air an tionndadh gu cloich ann am priobadh na sul. Faodaidh tu fhaicinn gu 'm bheil m' athair 's mo mhathair anns an aon suidheachadh ri sluagh eile a' bhaile.

"Is mise an t-aon neach air nach d' thainig am breitheanas trom so,

agus tha mi riamh o'n uair ud a' deanamh seirbheis do Dhia le barrachd durachd na bha mi roimhe. Tha mi 'creidsinn gur e Dia a chuir an so thu, a bhean-uasal ionmhuinn, a chum comhfhurtachd a thoirt dhomh, agus tha mi 'toirt moran taing dha; oir feumaidh mi aideachadh nach 'eil e cordadh rium a bhith an so 'nam onar."

Thug na briathran so orm gu'n robh barrachd graidh agam do 'n duine og mhaiseach so. Thuirt mi ris, "A Phrionnsa, cha 'n eil teagamh nach e am Freasdal a stiuir an rathad so mi a chum gu 'n tugainn dhutsa cothrom air falbh as an aite thruagh so. An uair a chi thu 'n long air an d' thainig mi a Bagdad, faodaidh tu 'thuigsinn gu'm bheil tomhas de mheas aig sluagh a bhaile sin orm. Tha cuid mhath de shoibhreas agam, agus tha mi gealltainn dhut gu'm faigh thu gach ni a bhios feumail gus an toir an righ dhut an inbhe agus an t-urram air am bheil thu airidh. Cho luath 's a chluinneas e gu 'n d' rainig thu Bagdad, bheir e dhut gach ni a bhios a dhith ort. Cha 'n eil e coltach dhut fuireach na's fhaide ann am baile anns am bi gach ni a chi thu ag urachadh do bhroin. Is leamsa an long, agus faodaidh tusa am feum a thogras tu a dheanamh dhith."

Ghabh e an tairgse a thug mi dha, agus chuir sinn seachad na bha romhainn de 'n oidhche a' bruidhinn air gach ni a bhuinneadh do ar turus dhachaidh.

Cho luath 's a shoilleirich an latha chaidh sinn air bord na luinge. Bha mo pheathraichean, an sgiobair, agus gach aon eile a bh' air bord fo mhor-iomaguin mu m' thimchioll a chionn nach do thill mi an latha roimhe sin. An uair a thug mi mo pheathraichean an lathair a phrionnsa, dh' innis mi an t-aobhar a chum air tir mi, mar a thionndaidheadh sluagh a' bhaile gu cloich.

Thug na seoladairean seachdain air cur na bha de bhathar anns an luing gu tir agus air a luchdachadh leis na bha de dh' ionmhas ann an luchairt a' phrionnsa. Lionadh i cho lan le or 's le airgid 's le seudan 's nach robh aite innte air son an innsridh a bha anns an luchairt. Lionadh an t-innsreadh fhein ceithir longan; ach o nach robh doigh againn air a toirt leinn, b' eiginn duinn 'fhagail.

An uair a fhuair sinn biadh is deoch gu leor air bord, sheol sinn, agus bha soirbheas againn cho fabharrach 's a dh' iarramaid.

Chuir am prionnsa agus mi-fhein 's mo pheathraichean greis dhe 'n uine seachad gle thoilichte maille ri 'cheile. Ach mo thruaighe! cha b' fhada gus an d' thainig caochladh air cuisean. Bha eud orrasan an uair a chunnaic iad cho cairdeil 's a bha mise 's am prionnsa ri 'cheile, agus le spiorad gamhlais dh' fheoraich iad dhìom air latha araidh, ciod a dheanamaid ris an uair a ruigeamaid Bagdad. Thuig mi 's a' mhionaid gu'n do chuir iad a cheist so orm a chum gu'm faigheadh iad a mach an robh tlachd agam dheth. Air an aobhar sin thuirt mi riutha mar mhagadh, gu 'n aobh duil agam a phosadh. An uair a thuirt mi so, thionndaidh mi ris a' phrionnsa, agus thuirt mi, "A Phrionnsa, cho luath 's a ruigeas sinn Bagdad tha mi suidhichte gu'n tairg mi mi fhein dhut gus a bhith agad mar shearbhanta a chum seirbheis sam bith a dh' iarras tu orm a dheanamh

dhut, agus tha mi gu h-umhail a guidhe gu'n gabh thu mi."

Fhreagair am prionnsa agus thuirt e. "A bhain-tighearna, cha'n eil fhios agam co dhiubh tha thu mar mhagadh no ga rìreadh; ach air mo shonsa dheth, tha mi 'g aideachadh gu follaiseach an lathair do pheathraichean gu'm bheil mi 'gabhail na tairgseadh le m' uile dheoin, cha 'n ann gus thu bhith agam mar shearbhanta ach mar mo bhean; agus tha mi 'g innseadh dhut gu'm bi thu fo riaghladh do thoil fhein anns gach ni." An uair a chuala mo pheathraichean so, thainig gruaim air an aghaidhean, agus na dheigh sin bha e furasda gu leor dhomh 'aithneachadh gu'n robh iad a' fas gle choma dhìom.

An uair a bha sinn mu astar latha o Bhalsora, am baile-puirt anns an robh duil againn an luchd a chur am mach, ghabh mo pheathraichean fath orm fhein 's air a' phrionnsa, agus thilg iad leis a' chliathaich sinn. Bhathadh esan; ach shnamh mise gu tir. Bha 'n oidhche cho dorcha 's nach robh agam ach fuireach anns a' chladach gus an do shoilleirich an latha. An uair a thainig an latha chunnaic mi gu'n robh mi air eilean fàsaid a bha mu fhichead mìle o Bhalsora. Thiorraich mi m' aodach ris a' ghrein. Choisich mi beagan astair o 'n chladach, agus thachair craobhan rium air an robh miosan gu leor. Thuig mi nach fhaighinn bas leis an acras ged a thachradh dhomh a bhith uine mhor air an eilean.

'Na dheigh sin leig mi mi-fhein 'nam shineadh ann an aite dubharach, agus cha robh mi fada 'nam shineadh an uair a chunnaic mi nathair sgiathach a bha anabarrach mor agus fada 'tighinn an rathad a bha mi, agus i 'g a toinneamh fhein a null 's a nall 's a teangadh 'muigh. Dh' eirich mi 'nam sheasamh, agus thug mi 'n aire gu'n robh nathair eile a bha anabarrach mor 'g a leantuinn, agus greim aice air earball oirre gus a h-itheadh. Bha truas agam ris an nathair sgiathaich, agus an aite teicheadh air falbh, is ann a ghabh mi de mhisnich na thog clach a thachair a bhith dluth dhomh, agus thilg mi le m' uile neart air an nathair mhoir i. Gu fortanach dh' amais dhomh a bualadh anns a' cheann, agus mharbh mi i. An uair a fhuair an nathair sgiathach fuasglada, dh' fhalbh i air iteig as mo shealladh. Leig mi mi-fhein 'nam shineadh far an robh mi agus chaidil mi.

Fada no goirid gu'n robh mi 'nam chadal, an uair a dhuisc mi, cìod a b' iongantaiche leam na boirionnach a bhith na suidhe lamh rium. Bha coltas aoidheil, caoimhneil air a gnuis. Bha da ghalladh dhubh aice air lomhainn. Dh' fheoraich mi dhi co i. "Is mise an nathair sgiathach," ars' ise, "agus thug thusa an diugh fhein saorsa dhomh o mo dhearg namhaid. Cha robh fhios agam cia mar a nochdainn mo thainghalachd dhut air son na rinn thu de mhath dhomh; ach air dhomh fios a bhith agam air cho cealgach 's a bhuin do pheathraichean riut, smaoinich mi gu 'n nochdainn mo chaoimhneas dhut le trom-dhioghaltas a dheanamh orra le cheile. Cha bu luaithe a thug thu saorsa dhomh na ghairm mi mo chompanaich maille ri 'cheile-oir is mnathan-sithe sinn-agus chuir sinn an t-ionmhas a bh' anns an luing gu sabhailte anns na taighaan-ionmhais a th' agad ann am Bagdad, agus 'na dheigh sin chuir sinn an long do ghrunnd a' chuain. Is e an da ghalladh dhubh so do dhithis pheathraichean. Chuir mise anns a'

chruth so iad. Ach feumar tuilleadh dioghaltais a dheanamh orra; agus feumaidh tusa deanamh mar a dh' aithneas mise dhut."

An uair a labhair a' bhean-shithe na briathran so, chuir i fo 'h-achlais mi, agus chuir i an da ghalladh fo 'n abhlais eile, agus thug i gu ruige Bagad sinn. Fhuair mi gach ni a bh' air bord 's an luing air a chur gu sabhailte anns na taighean-ionmhais mar a thuirt i rium. Mu 'n do dheallaich i rium thug i dhomh an da ghalladh, agus thuirt i rium, "Mur 'eil toil agad a bhith air do chur anns a' chruth cheudna ris an da ghallaidh so, ni thu riutha mar a tha mise ag orduchadh dhut. Ann an ainm an fhir a tha 'riaghladh na mara, bheir thu do gach te dhiubh ceud buile le slait a h-uile oidhche mar pheanas air son an uile a rinn iad ort fhein agus air a phrionnsa 'bhath iad."

B' eiginn dhomh gealltainn gu 'n deanainn mar a dh' aithn i dhomh. Riamh o 'n uair ud tha mi gabhail orra 'h-uile oidhche, ach cha 'n ann le m' thoil. An uair a ghabhas mi orra, tha mi 'sileadh nan deur leis an truas a th' agam riutha. An aite coire a chur orm is ann bu choir truas a bhith rium. Ma tha ni sam bith eile ann air am bu mhath leibh fios fhaotainn, gheibh sibh air

[TD 171]

[Vol. 6. No. 22. p. 3]

mu 'n cuir Aimini crìoch air a h-eachdraidh fhein.

Chuir na dh' innis Sobaide dha ioghnadh mor air an rìgh. An sin ghuidh e air Aimini gu'n innseadh i dha c'ar son a bha na h-athailtean air a h-uchd.

An uair a thoisich Aimini ri innseadh a h-eachdraidh fhein, thuirt i:—"Le 'r cead, a rìgh, cha ruig mi leas teannadh ri aithris na dh' innis mo phiuthar mar tha mu m' thimchioll. Foghnaidh dhomh a radh gu'n do ghabh mo mhathair taigh dhi fhein an deigh bas m' athar. Thug i mise mar mhnaoi do dhuine uasal beairteach a bh' anns a' bhaile, agus fhuair e mar thochradh an dileab a dh' fhag m' athair agam.

Mu 'n d' thainig ceann na bliadhna an deigh dhomh posadh, bha mi nam bhantraich, agus bu leam gach ni a bhuinneadh do 'n fhear a bha posda rinm. B' fhiach mo mhaoin gu leir mu cheud mìle bonn oir. Bha pailteas ann an riadh an airgid so gus mo chumail suas ann an suidheachadh cho math 's a dh' iarrainn. An ceann leth bhliadhna an deigh bas m' fhir thug mi ordugh do 'n taillear deich deiseacha a dheanamh dhomh dhe 'n aodach cho riomhach 's a bh' aige. Chosg gach te dhe na deiseachan mìle bonn oir. An uair a bha mi bliadhna 'nam bhantraich, thoisich mi ri caitheamh nan deiseachan riomhach so.

Air latha araidh, agus gun a stigh ach mi fhein 's na searbhantan 's mi gle thrang air obair an taighe, dh' innseadh dhomh gu 'n robh bean-uasal aig an dorus aig an robh toil bruidhinn rium. Thug mi

ordugh a toirt a steach. Bha i na leith-sheana bhoirionnach. Chuir i failte orm, agus thuirt i rium 's i air a gluinean air mo bheulaobh, "A bhean-ùasal ionmhuinn, tha mi 'n dochas gu 'n gabh thu mo lethsgheul air son dragh a chur ort; agus is e an t-earbsa th' agam 'nad chaoimhneas a thug orm tighinn far am bheil thu. Tha mi 'nam bhantraich, agus tha 'n aon nighean a th' agam a' dol a phosadh an diugh. Tha sinn 'nar coigrich, agus cha 'n eil luchd-eolais sam bith againn anns a' bhaile. Tha so a' cur dragh mor orm, oir cha bu mhath leinn gu'n saoiladh cairdean an fhir a tha mo nighean a dol a phosadh gu'm bheil sinn uile gu leir gun mheas anns a' bhaile. Air an aobhar sin nan cuireadh tusa a dh' urram oirnn gu'n rachadh tu thun na bainnse, chuireadh tu fo chomain mhor sinn. Bhiodh mnathan-uaisle na duthchadh a' smaointean nach eil sinn cho bochd 's cho suarach 's a tha sinn, na 'n rachadh tu comhladh ruinn. Ach mur teid thusa comhladh ruinn, bidh sinn air ar maslachadh, oir cha 'n eil fhios againn co eile a theid sinn a dh' iarraidh."

(Ri leantuinn.)

Innsean na h-Airde 'n Ear.

Is e dùthaich mhor, fharsuing, bheartach, a tha ann an <eng>India<gai>, aig am bheil eachdraidh iongantach a tha 'ruigheachd nan linntean aosmhor. Is eiginn gu robh<eng>India<gai>air a h-aiteachadh le daoine innleachdach, gaisgeil, ann an tus an t-saoghail, agus fada mun tainig sluagh mor no beag a dheanamh gnìomh tapaidh air bith anns an Roinn-Eòrpa. Thog na h-Innseanaich ud luchairtean riomhach, eireachdail, 'us teampuill no tighean aoraidh maiseach, snasmhor, iomadh linn mun robh eolas aca air an Roinn-Eòrpa agus mun do thòisich Gréugaich 'us Romanaich air neart a thrusadh agus air soirbheachadh a dheanamh. Co is urrainn sgeula tuigseach, fìor, innseadh mu na daoine 'thog bailtean<eng>India,<gai> agus mu 'n àm anns an robh sgil co anabarrach, agus neart 'us dichìoll co sonruichte air an nochdadh anns na tighean mora, lurach, a tha nis a fadadh suas ioghnaidh nach eil gann ann an cridheachan an dream a tha 'g amharc orra. Bha gun teagamh, buaidhean laidir, mora, aig na fineachan a bha tuineachadh ann an comhnardan, ann an ionadan arda, agus ri taobh aimhnichean <eng>India<gai>, mun do thòisich eachdraidh cheart, phongail, air a bhi air a sgrìobhadh. Is e inntinn gheur, ghasda 'bhuineas do 'n t-sluagh lionmhor iomadach, a tha 'n diugh a' gabhail comhnuidh anns an dùthaich theith, iomraiteach ud.

Tha faisg air da cheud bliadhna o'n thòisich na Breatunnaich, na Frangaich, agus na Duitsich 'us cinnich eile, air eolas a chur air <eng>India<gai> agus air beachd a ghabhail air beartas na dùthcha 's air a' mhalairt 's air a' mharsantachd a bha comasach agus a bheireadh maoin mhor leis eadar an Roinn-Eòrpa agus tìr thorach <eng>Asia<gai>. Bha iomadh connspoid 'us cogadh eadar na Frangaich 'us na Breatunnaich mun d' fhuair Breatunn sealbh 'us suidheachadh dìongmhalta anns na h-Innsean. Fhuair cuideachd de mharsantan Breatunnach cead no coir air tighean malairt a thogail aig beul na h-Aimhne Gaingeis agus dluth air Calcutta. Thruis a' chuideachd so,

ann an uine ghearr, neart 'us cumhachd nach robh gann no faoin anns na h-Innsean. Rinn Raiah no rìgh amaideach eucoir eagalach ann an 1756 air Breatunnaich air an d' fhuair e lamh an uachdair. Chuir e gun iochd, gun trocair, àireamh mhor ann an Toll Dubh Chalcutta. Chaidh an oidhche seachad agus an uair a phill solus an latha, cha robh ach gle bheagan beo de na daoine 'chuir an rìgh mosach anns an Toll Dhubh. Thachd an t-aileadh uamhasach, mi-fhallain, corr mor 'us ceud de na daoine truagha. Chaidh Raibeart Clibhe ann an laithean 'oige do na h-Innsean. Ged nach robh e riamh ann an sgoil nan saighdearan, is e gaisgeach curanta, meamnach, a bha ann da rìreadh, o laimh naduir fein. Ann an uine bheag choisinn e da fein inbhe ard 'us ughdarras ann an seirbhis na cuideachd Bhreatunnach. Is e a chuir an cath aig Plassey ann an 1757, agus a fhuair buaidh, le feachd nach robh ach beag, beag ann an àireamh, air na h-Innseanaich ghuineach, lionmhor. Leag e mar so le sgairt 'us gliocas, 'us spairn anabarrach, bunait na rioghachd a bhuineas an diugh do Bhreatunn, anns na h-Innsean. Cha robh aithne aig Clibhe air sgath no geilt. Bha e fìor-dhìleas do 'n chuideachd agus mar so do Bhreatunn fein. Bha iomadh nì air a dheanamh anns an àm ud ann an<eng>India<gai>nach robh aon chuid onorach no ceart. Is e àm tiamhaidh, cunnartach a bha ann, agus bha gach ceannard 'us fear-riaghlaidh eudmhor airson a chuis fein a dhìon 's a chumail suas le doighean fosgailte no fealltach. Gle cosmhuil ri Clibhe ann an cruadal, ann am misneach, agus an innleachdan a chur air chois airson buaidh fhaotainn thar na rìghrean Innseanach, bha <eng>Warren Hastings<gai>, a thainig an deigh Chlibhe mar ard-uachdaran <eng>India<gai> ann an seirbhis na cuideachd bheartaich, chumhachdaich, a bha 'giulan malairt throm air aghaidh eadar Breatunn agus na h-Innsean. Am feadh a bha Hastings fathast gle òg, thuig e gun do chaill an teaghlach d' am buineadh e, oighreachd an aithrichean, agus chuir e roimhe gu ceannaicheadh e fa-dheoidh an oighreachd so air a h-ais. Bha crìdhe dòn, treubhach aige, 'us bha 'thoil co laidir, seasmhach ri creag, no ris an iarunn fein. Thòisich e gu grad air tuilleadh cumhachd 'us fearann, 'us stòras, a shìreadh agus fhaotainn do 'n chuideachd agus mar so do Bhreatunn fein. B' eigin da iomadh blar goirt, fuileachdach, a ghleachd, gu sonruichte ann an cearna mu dheas <eng>India<gai>. Bha athair 'us mac am measg nan Innseanach, anns a chearna so, a bha gaisgeil, agus aig an robh comas air gleachd gu nìmheil, neo-sgathach, agus air na Breatunnaich a chur g' an dubhlan. Shoirbhich leis mu dheireadh, agus rinn e rioghachd Bhreatuinn ann an<eng>India,<gai> moran nì bu mhodha 'us nì bu sheasmhaiche na bha e an uair a ghabh e greim daingean, seolta, air stiùir an riaghlaidh. Dh' eirich moran 'na aghaidh ann am Breatunn fein, oir bha amharus aca gu robh e aig iomadh am carach 'us neo-ìochdmhor am feadh a bha e 'na ard-uachdaran ann an <eng>India<gai>. Ghabh Buirc, an Eirionnach foghainteach, ùr-labhrach, os laimh casaid eagalach a dheanamh an aghaidh Hastings ann am Parlamaid Lunnainn. Ged chaidh moran seanachais a dheanamh, cha tugadh an ceatharnach gaisgeil riamh gu cuirt air bith. O'n bha e cho dìleas, cruadalach, ealanta, ann an<eng>India,<gai> agus o'n dh' àrduich e gu mor ainm 'us ughdarras Bhreatuinn anns an dùthaich ud, bha gach neach mu dheireadh toileach leiginn do 'n duine ard-chrìdheach a chaith a neart, 'us cuibhrionn mhor de 'laithean fo ghathannan loisgeach na gréine ann an <eng>India<gai>, feasgar a chuairt thalmhaidh a

chaitheadh ann an sith 's an seasgaireachd ann an luchairt 's ann an oighreach aithrichean a cheannaich e air an ais le 'dhichìoll 's le thapachd fein.

CONA.

Am MAC-TALLA gu deireadh na bliadhna, 1898 air son dolair. Cuir dolair 'ga iarraidh gun dàil.

[TD 172]

[Vol. 6. No. 22. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00
Sia miosan,50
Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duilleig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 26 NOBHEMBER, 1897.

Litir a <eng>New Zealand.<gai>

TUILLIADH MU'N FHFARANN.

An deigh an rainnich tha 'n "Titree" a' fàs gu bras; tha e tighinn a mach le duilleig bhig mheanbh mar fhochann feòir. Feumar a ghearradh gle thrì mus teid a chur buileach as. Innsidh mi mu'n chraoibh so aig àm eile. Ann an talamh a tha de ghnè fliuch, tha seorsa de luachair a' fas 'na thomannan am measg an fheoir. Cha'n eil ann dheth an toiseach ach beagan de fhochann, 's e beag, biorach, a' tigh'nn a mach, ach an ùine ghoirid tha e air feadh an raoin gu léir, agus feumar a chladhach as an talamh le piocaid. 'Nuair a bhios na fòidean a theid a chladhach mar sin tioram theid an losgadh. 'S e 'n "Titree" agus an luachair so cuid de na nithean a

bhios a cur dragh air na tuathanaich. Tha 'n talamh gu math reidh air son a threabhadh. Cha'n eil torran ann air son stad a chur air a chrann; ach air a shon sin tha a' chriadh trom, agus duilich a tionndadh air a' cheud 'treabhadh. Mar so cha'n eil e freagarrach air son àiteach, agus feumar mar sin a threabhadh tarsuinn 's fhàgail na "thalamh bàn" Tha an sin a' chriadh a leaghadh 's a bristeadh 's a dol na h-ùir, 's a' fàs na's freagarraiche air son tuathanachais. Mar a's trice theid an talamh obrachadh mar so 's ann a's fhèrr a tha e dol, agus an ceann àireamh bhliadhnaichean tha e 'na thalamh a bhios gle mhath, 's bidh fras feòir no cruithneachd air a chur ann; mar a's trice 'se fras feoir a theid a chur ann an toiseach. Bha na tuathanaich an toiseach a leantuinn cleachdadh na seann dùthcha, ach fhuair iad a mach air an cosd nach robh sin freagarrach. Bha iad a' cur fras "feur na sengar" anns an talamh gharbh so; bha e gu tric a' crionadh. Tha e na's freagarraiche ann an achannan, am machraichean, agus an talamh beairteach. Tha "feur na sengar" a' fàs gu bras, agus tha e neo-chumanta math air son spreidh. Tha 'n sluagh a nise leigeil nam feuran Sasunnach an darna taobh, agus a togail feòir dhùthchannan eile. Tha feur eile a' gabhail greim anns a' chearna so ris an canar "earball radain," agus tha an dias aige gle choltach ris an ainm. Tha e garbh, agus lan de fhreumhan beaga, caola; beilidh e na fiaclan agus na càrainean as an spreidh, ach reamhraichidh iad air an ùine ghoirid. Anns an fhoghar, bithear 'ga chur 'na theine. Tha 'm fochann aige a fas gu bog, milis, agus lan susbaint. Tha feur eile ann ris an canar am <eng>"brown-top,"<gai> agus tha e fàs gle phailt. Thòisich e ann a Waipu. Tha e gle sheasmhach ri àm teas; bidh fochann cho trom mu 'bhun. Thugadh am feur so d' an dùthaich le Seumas Friseal á Caol-a-Tuath St Anns, ann an Ceap Breatunn, ann an leabaidh; fhuair am fras aige greim, agus sgaoil e air feadh na dùthcha. 'Nuair thainig mise d' an dùthaich so thug mi 'n aire mu fheur na sengar gu robh e fàs ann an St. Anns; bha bad dhe air fearann m' athar, eadar an tigh agus an stòr, agus bha e leudachadh beagan na h-uile bliadhna. Am bheil e ann fhathast? Thainig am feur d' an dùthaich so á Sasunn ann am bocsa gloine. Bha e 'fas garbh, làidir, anns an t-seann dùthaich, ach an so tha e caol, meanbh. An teas an t-samhraidh tha 'n talamh a sgoilteadh, agus air uairean bidh na sgàinidhean ma dh' fhaodte troigh a leud. Tha so air uachdar cloich aoil. An aitean fliucha tha seòrsa de dh' easgainn anns an talamh. Gheibhear i 'nuair bhitheas a cladhach dig gu seang sleamhuinn. Bha m' athair fhein ag radh gu 'm b'i so an dùthaich a b' fhèrr air an t-saoghal, gu faighte an t-iasg 's am buntàta anns an aon raon.

IAIN ROTHACH.

Ri leantuinn.

Thuit caitean math sneachda deireadh na seachdain s'a chaidh agus toiseach na seachdain so. Bha beagan shleigheachan a' falbh air na sràidean, ach 's e 'n cuidhleadh pailt a b' fhèrr. Cha'n eil teagamh againn nach eil deagh ròidean sleighe air taobh eile 'n eilein.

Bhris teine mach ann am baile mor Lunnainn Di-haoine s'a chaidh, a rinn call uamhasach. Chaidh ceud gu leth tigh ceannachd no tigh-gleidhidh bathair a losgadh, agus thatar a meas nach b' fhiach na taighean sin 's na bba 'nam broinn na bu lugha na coig muillein fichead dolair. Cha robh teine cho dona anns a' bhaile mhor sin o chionn iomadh bliadhna.

Tha aon de phaipearan Halifax ag radh gu'n do chuir tuathanach ann an Shubenacadie d'an aimn Tearlach Friseal, da bhiseal gu leth crithneach a's t-earrach s'a chaidh, agus gu'n do bhuaib e ceithir fichead buiseal 'sa dha. Chuir fear eile, Tearlach Annand, coig buiseil, agus bhuaib e tri fichead us ochd buiseil gu leth. Cha'n olc an toradh sin do dhùthaich nach eil a' gabhail oirre fhéin a bhi 'na dùthaich a tha math airson togail an t-seòrsa gràin ud.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an am cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean, Paiper-tearra, Paiper-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.

Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa.
'GAN CREIC SAOR.

[TD 173]

[Vol. 6. No. 22. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh da mhìle dheug tunna guail a chur a mach á méinn <eng>New Campbellton<gai> bho thoiseach an t-samhraidh.

Fhuair eadh dithis pheathraichean, Ada agus Lily Cross, marbh anns an leabaidh an Toronto, a sheachdain gus a bhòn dé. Bha iad air am mùchadh le ceò a thainig as an stobh a bha 's an rùm aca. Bha iad le cheile coig bliadhn' deug a dh' aois.

Tha Sir Olier Mowat a nise 'na Riaghladair air Ontario, agus tha'n t-Onarach Dàibhidh Mills an deigh an dreuchd a bh'aige 'san ard-Riaghladh a ghabhail. Tha <eng>Sir Oliver<gai> a nise 'na sheann duine a tha 'n deigh a' chuid mhor de bheatha chur seachad gu saothreach ann an seirbheis a dhùthcha agus 's math an airidh e air an onair a thatar a' cur air.

Chaidh ceithir cheud mìle barailte de dh' ùbhlán a chur air falbh á <eng>Nova Scotia<gai> an uiridh; gu ruige so am bliadhna cha do chuireadh air falbh ach mu cheithir fichead us deich mìle. Tha sin ag innse cho gann 'sa tha na measain sin am bliadhna. Ach na thatar a' cur air falbh dhiubh, tha iad gle mhath, agus tha iad a' creic air pris na's fhèarr ann am Breatunn na tha ùbhlán Ontario.

Chaidh naodh fichead us còig ùnnsa de dh' òr a thoirt air a mhios s'a chaidh á méinn a thatar ag obrachadh ann an <eng>Sherbrooke, N. S.<gai> 'S fhiach sin mu thri mìle 's sia ceud dolair. Thugadh air a' mhios cheudna seachd fichead ùnnsa 'sa sia a méinn eile, fiach da mhìle 's naodh ceud dolair. Agus thugadh fiach aona ceud deug dolair á méinn eile. Faodaidh an t-òr a bhi gle phailt ann an Clondaic, ach cha'n eil e uil' ann.

Tha boirionnach d' am ainm Olive A. Sternaman ri bhi air a crochadh ann an <eng>Cayuga, Ontario,<gai> air an fhicheadamh latha dhe'n bhliadhn' ùir. Fhuair eadh ciontach i de thighinn ri beatha a fir-pòsda le puinnsean a thoirt dha. Bha i pòsda da urir, agus ged nach robh i air a feuchainn ach air son bàs an fhir mu dheireadh, tha àmhrus làidir aig daoine gu'n do chuir i as do'n cheud fhear air an aon dòigh. Bha suim mhor de dh' airgead-cinnteachaidh air beatha gach fir dhiubh. Cha'n eil i ach coig bliadhna fichead a dh' aois.

O chionn da sheachdain air ais, thainig duine bha gabhail air a bhi mhuinnir <eng>St. John<gai> gu Halifacs, agus ghabh e rùm ann an tigh. Bha nighean òg a' fuireach anns an tigh sin d' am b' ainm Mairi Hams. Thòisich an coigreach, d' am b' ainm, a reir a sgeòil fhéin, Seòras O'Brien, air deanamh suas ris an nighinn, agus an

taobh a stigh de dheich uairean phòs iad. Bha so air Di-satharna. 'Sa mhaduinn, chaidh O'Brien a mach air cheann gnothuich, agus cha do thill e tuilleadh. Fhuaradh a mach uaithe sin nach robh e 'g innse na firinn, agus cha'n eil dùil aice-se bha air a pòsadh ris ri 'fhaicinn tuilleadh. Is dilleachdan i, agus tha i de dheagh dhaoine.

Bha fear Seumas Huton, a tha tri fichead bliadhna 'sa naodh a dh'aois, aig cùirt ann an Toronto air am naodhamh latha dhe'n mhios so air son a mhac fhéin a mhort. Bu thàillear e agus bha e fhéin 'sa mhac ag obair cuideachd. Bhiodh iad a dol bhar a cheile gle thrìc, agus bhiodh am mac air uaireannan a' deanamh droch dhiol air 'athair. Aon mhaduinn dh'òl iad botull de dh' uisge-beatha eatorra; an deigh sin thoisich iad ri sabaid agus mu'n d' thainig crioch oirre, chaidh am mac a mharbhadh. Aig a chùirt fhuair e an seann duine ciontach, ach leis mar a bha e air a chur uige, agus cho sean 's a bha e, rinn am britheamh a pheanaist cho aotrom 'sa b' urrainn da. 'Si bhinn a thugadh a mach air gu'm biodh e air a chur d' an tigh-obrach fad choig bliadhna.

(Air a leantuiun o thaobh 169.)

tig i briagha dhomhsa cuideachd;" agus chuir e air a cheann a bhoineid agus cheangail e na ribinnean fo 'smigead gu doigheil. Thòisich na h-ighinnean air gaireachdaich, gus ma dheireadh mhothaich am fear a bha 'coiseachd a' bhnt gu dé bha dol air aghaidh mu chreic na boineid agus thainig e 'nall; bha e fhein tha mi 'creidsinn gle mhath gu feala-dha, oir 'n uair a chunnaic e cho aighearach 's cho cuireideach 's a bha Domhnull, thuirt e ris: 'Bheir mi dhuit ni sam bith a dh' iarras tu, a laochain, ma theid thu 's ma bheir thu pòg bho 'n te mhòir ud shuas.' Sheall Domhnull mu 'n cuairt, agus chunnaic e te mhor, ghrannda, liath, le coltas cho crosda 'us nach duraichdeadh na coin sealltain oirre. 'Millidh mi 'bhoineid,' thuirt Domhnull. 'Ma mhilleas bheir mi dhuit te ùr,' arsa fear a' bhùth. Cha luaithe chuala Domhnull sid, na suas a ghabh e na shradaichean a thoirt pòig bho 'n mhaighdean mhoir, ghrannda a bha thall ann an sid. Theich ise do 'n aite 's an robh na h-igheannan ag obair, 's Domhnull a stigh as a deigh; chlisg na h-ighinnean 'us dheirich iad 'n an seasamh, ach an uair a chunnaic iad de 'bha dol air aghaidh thòisich iad air gaireachdaich. Thug Domhnull a phòg bho 'n t-sean te, ach ma thug, cha b' ann a nasgaidh, bha 'bhoineid 'n a stròicean, 'us dh' fheum fear a' bhùth te ùr a thoirt dha; agus na b' fhearr na sin, dh' fheum Domhnull suidhe comhla ris na h-ighinnean gus an robh a' bhoineid air a deanadh suas, agus faodaidh sibh a bhi cinnteach nach robh na cailean còir ann an cabhag mhor sam bith. 'Nuair a bha e a falbh, thog fear a' bhuth an <eng>'concertina'<gai> agus shin e do Dhomhnull e, ag radh, 'So, a ghoistidh! is math is airidh thu air, agus tha mi lan-chinnteach gu 'm faigh thu gu leoir de dh' àbhachd leis 'n uair a ruigas tu dhachaidh.'"

(Ri leantuinn.)

Tha aon de na paipearan Gàidhealach a fhuair sinn air an t-seachdain so a giùlan sgeula-bàis an Urr. Iain C. Mac Fhionghain, ministear na h-Eaglais Stéidhichte ann an Cròdhaig <eng>(Croick).<gai> Fhuair Mr. Mac Fhionghain a bhreith us 'àrach ann an <eng>New Canada,<gai> faisg air Hogamah, anns an eilean so, agus 'nuair a bha e 'na dhuin' òg chaidh e null do 'n t-seann dùthaich far an d' thug e mach foghlum ministear. Bha e àireamh mhath bhliadhnaichean a' searmonachadh ann am paraiste Chnòideart, agus an deigh sin chaidh e gu Cròdhaig, far an robh e 'saoithreachadh gu àm a bhàis. Bha e 'ùine mhor tinn, agus chaidh e gu Dun-Eideann dh' fheuch am faigheadh e leigheas no faothachadh, ach cha d' rinn an turus feum sam bith dha. Bha Mr. Mac Fhionghain 'na shearmonaiche math Gàilig us Beurla, agus 'na dhuine measail. Cha robh ann ach duin' òg, agus tha sinn duilich sgeula 'bhàis fhaotainn.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai>

Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35

Orain Iain Luim,

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgrìobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher<gai> "Mac-Talla,"

<eng>Sydney, C. B.<gai>

[TD 174]

[Vol. 6. No. 22. p. 6]

SEUMAS II.

(Air a leantuinn.)

Ach 'n uair a bha 'n luchd-riaghlaidh mar so a caradh 's a' mealladh a chéile bha staid na tíre gle thruagh, le ain-neart 'us ceannairc nan ceann-feadhna, araon air Ghalltachd 's air Ghàeltachd. Bha iad sin mar nach biodh rìgh no ard-uachdaran idir ann, gach fear a' deanamh an nì a bha ceart 'na shùilibh féin. Ach bha aon fhear dhiubh sin a bha comharraicht' a measg chàich, agus fad os ceann gach tighearn' eile 'am mòrchuis, 's an cumhachd. B'è so an t-Iarla Dùghlasach, a thainig o theaghlach an deadh Mhorair Dùghlais, caraid a' Bhrusaich. Bha 'n teaghlach so a nis air cinntinn gu ro mhor 'an saibhreas agus 'an cumhachd. Cha robh teaghlach eil' ann aig an robh uiread de fhearann 's de luchd-leanmhuinn ris an teaghlach so. Cha robh Gilleaspuig, Iarl' an la sin, a' toirt ach gle bheag ùmhlachd do 'n cheud rìgh Seumas. Bha barrachd greadhnachais timchioll air a chaisteal aige na bha timchioll air cùirt an rìgh féin. 'N uair a rachach e mach air chuairt taobh sam bith cha b' uilear leis mìle marcach a bhì ga leantuinn. Cha robh e coslach gu 'n tugadh a leithid sin a dhuine bonaid a nuas do 'n dithis a bha nis a' comhstri mu riaghladh na rioghachd. Ach bhàsaich an urra mhor so 's a bhliadhna 1439, agus lean 'oighre agus a mhac Uilleam, air na h-aon doighibh a bh' aig 'aithrichibh roimhe, a thaobh morchuis 'us neo-eisimeileachd do 'n luchd-riaghlaidh. Bha iad sin, le cheil' air bheag neirt, agus an comhstri féin a' lughdachadh an neart, le bhì ga 'n deanamh tàireil an sealladh an t-sluaigh, agus mar sin ged a dh' oidhirpicheadh iad an Dùghlasach a chur fodha le neart 's gann a gheibheadh iad de dhaoine air an togail na dheanadh sin. Agus o'n bha eagal orr' aghaidh a chuir air an leòmhann gu follaiseach 's gu leòmhanta, 's e rinn iad lion a dhealbh air son a ghlacadh gun fhios, agus cur as da air dhoigh a bhiodh saor o na h-uile cunnart dhoibh féin. Chuir Mac-an-Léigh 'us Craighton an cuid comhstri a thaobh car greiseig gus am faigheadh iad an gnothuch so seachad. Rinn iad cuim, gu 'm biodh an t-Iarla Dùghlasach, nach robh ach sea

bliadhna-deug a dh' aois, agus a bhràthair Daibhidh, air am fiadhachadh gu càirdeil gu Caisteal Dhuneidin, far an robh a' chùirt 's an àm sin, gu cuideachd a chumail ris an rìgh òg. Bha càirdean fad-sheallach aig an Iarla nach robh idir air son da dhol thun na cùirt. Ach cha ghabhadh e bacadh. Rainig e féin 's a bhràthair Caisteal Dhuneidin, 's bha 'n rìgh òg, mu dheich bliadhna an uair sin, ro thoigheach air an comunn, 's air na seanchasaibh a bha iad ag innseadh dha mu ghnìomharraibh euchdail an sinnsireachd. Ach cha robh so gu marsuinn fada. 'N uair a bha na h-uile nithe ullamh, 's a shuidh a' chuideachd sìos aig bòrd 'an àm na dinneir, chuireadh ceann tairbh dhuibh fa-chomhair nan Dùghlasach òga. Thuig na h-òganaich, a reir cleachdaidh a bha coitichionn 'an Alba 's na linnibh ud, gu 'm bu shuaicheantas bàis a bha 'n sud. Dh' éirich iad o'n bhòrd le graide, 's le sgreatachd. Ach bha 'n seòmar a nis air a chuirteachadh le daoineibh armaicht', a rug orra, 's a tharruing a mach iad gu cùirt chùil a' chaisteil. Chaidh ceannairc 'us droch ghnìomharan eile an aithrichean a chur as an leth an sud, agus chaidh an dìteadh gu bàs gu grad. Ghuil an rìgh, 's dh' aslach e mar a b' urrainn e, am beatha bhi air a caomhnadh. Bha aslachadh an rìgh co suarach aig na mortairibh ud ri aslachadh nan Dùghlasach féin. 'S ann a rinn iad fanoid air a chionn e bhi caoidh nan naimhdean is mo a bh' aige 's an rioghachd. Chuireadh an ceann deth 'n dìthis bhràithrean anns a' bhad. Rinneadh an aon diol air Calum Fleming, fear leanmhuinn dileas do 'n teaghlach, a thachair a bhi làthair. B'i so an dinneir dhubh.

Bha 'n gnìomh ud co amaideach 'an seadh saoghalta, 's a bha e co peacach, an seadh eile. Oir ged nach d' fhag na h-òganaich ud bràthair as an deigh a thogadh an ainm 's an aite, gidheadh bha bràthair athar aca, Seumas, a chaidh a ghairm 'na Iarla Dhùghlais air ball. Bu duine seolta, neo-ghnìomhach e so, a bha araon trom 'am feoil 's an inntinn. Cha robh e air son trioblaid a chur air duine sam bith. Ach cha do mheal esan an onair ach da bhliadhna, 'n uair a bhàsaich e, agus thainig a mhac, Uilleam, 'na aite. Bha Uilleam so co gnìomhach, conachdail ri aon sam bith a chaidh roimhe de na h-Iarlachan Dùghlasach. Bha e 'cur roimhe nach tugadh e bonaid a nuas do rìgh no do ridir. Bha dinneir dhubh a' feitheamh airsan mar an ceudna.

Ach cha b' iad na Dùghlasaich a mhàin a bha 'togail sàil na ceannairc 'an aghaidh ùghdarras an luchd-riaghlaidh. Bha tuilleadh 's gu leòir ri 'fhaicinn de sin feadh na rioghachd a tuath 's a deas. Agus thachair e mu 'n àm so le ro-lionmhoireachd nan còmhragan a measg nan ceann-feadhna gu 'n do leig daoine seachad a bhi saoitreachadh na talmhainn, agus gu 'n do bhuadhaich plàigh ro eagalach air feadh gach cearna de 'n dùthaich, air a h aobharach leis a' ghort. Theirteadh plàigh gun tròcair rithe so, oir cha robh duine a' tearnadh a bha ga gabhail. Bha iad a' bàsachadh an ceann cheithir uairean fichead.

Ach mar a bha 'n dìthis fhiùdhalach a bh' air ceann an riaghlaidh a' taisbeanadh a bhi neo-fhoghainteach, 's neo-fhreagarrach air son na rioghachd a stiùireadh, thugadh an cumhachd as an làmhaibh 's thugadh do 'n rìgh féin i, a bha nis dlùth air tighinn gu fearachas.

Be 'n ceud ni a chunnaic an rìgh aige féin ri dheanamh, oidhirp a thoirt air cumhachd nan ard-uaislean a bhriseadh, an dearbh ni a bha 'na mheadhon air beath' athar a ghiorrachadh air son e féin ga oidhirpeachadh. Bha deadh fhear-comhairl' aig Seumas aig dol dha 'n ceann a' ghnòthuich mhoir so, ann an Easbuig Chill-Rìmhinn, da 'm b' ainm Ceanadaidh, agus a bha 'n dlùth dhaimh do 'n rìgh féin. Bha e 'na ni ionmholta 's an rìgh so gu 'n tuigeadh e comhairle mhaith, 's gu 'n leanadh e i 'n uair a gheibheadh e i. Thuig an t-Iarla Dùghlasach gu 'n robh e 'n run an rìgh an ionnsuidh a thoirt air a chumhachd féin a lagachadh, agus chrìoslaich se e féin air son na bh' aig a chumail 's an doigh a b' fhearr a dh' fheadadh e. Chaidh e 'n comh-bhoinn ri Iarla Rois, agus ri duine fuileachdach eile da 'm b' ainm Alastair Lindsì, mac bu shine Iarla Chràford. Chomh bhòidich iad so uile gu 'n cuidicheadh 's gu 'n dìonadh siad iad féin 'an aghaidh co sam bith a dh' fheadadh ionnsuidh a thoirt orra, ged a b' e 'n rìgh féin e. Thug an Dùghlasach mar an ceudna air gach duin' uasal a bh' air a chuid fearainn gealltuinn gu 'n leanadh iad féin ris 's a chomh-bhoinn so. Ach bha aon duin'-usal tapaidh nam measg sin a dhiùlt gnothuch sam bith a bhi aige ris a'chomunn ud, a chionn nach robh ann ach ceannairc gun fholuch 'an aghaidh ùghdarrais an rìgh. B'è Mac-an-Leaghlain, ainm an fhir so. Rug an t-Iarl' air gun dàil, 's rinn e prìosunach dheth 'an Caisteal Dhùghlais. Ach bha bràthair màthar aige da 'm b' ainm Sir Padruig Mac-'Ille-Ghlais 'na cheannard air freiceadain an rìgh. Dh' aslaich an t-oifigeach so air an rìgh a dhol 's an eadraigin air son a charaid a shaoradh o'n chunnart 's an robh e. Sgrìobh an rìgh litir air ball fo 'n t-seula mhor, a dh' ionnsuidh an Dùghlasaich, agus dh' fhalbh Sìr Padruig féin leatha far an robh 'n t-Iarla. 'N uair a rainig e 'n caisteal bha 'n t-Iarla a' suidhe sìos gu 'dhinneir. Dh' fhoighnich e de 'n teachdair-rìgh so an do ghabh e 'dhinneir? "Cha do ghabh," arsa Sìr Padruig. "Cha 'n eil comhradh gu bhi ann," ars am Morair, "eadar duine làn 's duin' ocrach, suidheadh Sìr Padruig gu dhinneir, 's deanamaid comh-labhairt an deigh sin." Shuidh an Ridir' 's an t-Iarl' aig an aon bhòrd, 's co bhitheadh co geanaìl 's co briathrach ri fear an tighe? Ach aig an àm cheudna thug e ordugh uaigneach seachad Mac-an-Leaghlain a bhi air a thoirt a mach as a' chaisteal agus an ceann a bhi air a chur dheth, agus eudach a bhi air a sgaoileadh air a chorp a muigh air a ghlasaich. 'N uair a bha 'n dinneir thairis libhrig Sìr Padruig litir an rìgh do 'n Mhorair a ghabh i le mor urram, ma b' fhior. 'N uair a leugh e i thuirt e "gu 'm bu choir ùmhlachd a thoirt do aithn' an rìgh, agus gu ro àraidh air sgath Sìr Padruig féin. Ach bha Sìr Padruig car fadalach gun tighinn." Threoraich e 'n sin a mach an Ridir thun na glasaich, "Agus," ars esan, 's e tomhadh a mheòir ris a' chorp, "tha mac do pheathar an sud, feudaidh tu 'n rud a thogras tu 'dheanamh ris, ach tha 'n ceann a dh' easbhuidh air." "Ach," arsa Sìr Padruig, 's e cumail air féin mar a

[TD 175]

[Vol. 6. No. 22. p. 7]

b' fhearr a b' urrainn e, "ma thug sibh leibh an ceann, feudaidh

sibh an ni is àill leibh a dheanamh ris a' choluinn." Ghrad leum e na dhiollaid an sin, 's nuair a fhuair se e féin gu socair innte, chuir e car 'an ceann an eich, 's ghlaodh e, "Mhorair, ma 's duine beo mise, gheibh sibh 'ur duais air son so." Chuir e 'n sin spuirean ris an each a bha 'na ainmhidh taghta. Ghlaodh am Morair a mach ri chnid oifigeach féin, iad a leum na 'n diollaidibh agus Sìr Padruig a chur an laimh. Ach an deigh do dhream mhaith dhiubh a ruagadh fad corr 'us leth-cheud mile, leis na h-ainmhidhibh bu luath-chosach a bh' aca, b' eigin pilltinn dachaidh gun dad air son an saothrach. Rainig Sìr Padruig an rìgh, 's dh' innis e dha focal air an fhocal mar thachair. 'N uair a chuala Seumas an tàir a thaisbein an t-ìochdaran ceannairceach ud d'a ùghdarras féin, 's an doigh air an do laimhsich e 'theachdair, bha e lan feirg', agus tàmailt. Ach b' eigin da sin uil' a chumail air féin. Bha 'n t-Iarla ro-laidir eadhon air son an rìgh féin. 'N 'an cuirteadh gu dhùbhlán e, dh' fheudadh e greim Sheumais II. air a' chaithir a chur an cunnart.

Ach 'an uine nach robh fad' an deigh sud, 's ann a smuainich an rìgh gu 'n tugadh e 'n Dùghlasach gu ni-eigin de ùmhlachadh, na 'm faigheadh e fàth air bruidhinn ris aghaidh ri aghaidh 'an uaigneas, agus reusonachadh ris air cunnart 'us olcas nan dòighean a bh' aige. Bha rìgh Seumas a nis air tighinn gu fearachas, air dol thairis gu maith air fichead bliadhna. Bha e 'na dhuine tapaidh, tlachdmhor. Ach bha comharra mor, dearg, air o rugadh e, a bha còmhachadh an dara taoibh dheth aghaidh; air son so, theirteadh Seumas na h aghaidh teinntich ris. Thug cuid de luchd-eachdrainh fainear gu 'm feudtadh Seumas an spioraid theinntich a radh ris co maith. 'S e rinn e nis, fiadhachadh a thoirt do 'n Iarla gu conaltradh càirdeil a chumail ris aig a' chùirt, a bha 's an àm sin a chòmhnuidh 'an Sruileadh. Dh' aontaich an t-Iarla ri tighinn thun na cùirte, na 'm faigheadh e litir fo sheul an rìgh a' deanamh cinnteach dha gu 'm biodh a bheatha tearuinte gus am pilleadh e air ais. Fhuair e sin, 's ghreas e thun na cuirte le tearc de luchd-leanmhuinn a measg an robh a cheathrar bhràithrean féin. Thog na h-uaislean eil' an cairtealan 's a' bhaile, 's chaidh an t-Iarla do 'n chaisteal a dh' ainharc an rìgh a ghabh ris le mor shubhachas. Air an ath là ghabh e dhinneir aig bord an rìgh, agus dh' fhan e ri shuipeir, a bha gu bhì aig seachd uairean. An deigh na suipeir thug an rìgh a leth-thaobh an t-Iarla, 's thòisich iad air dian chomh-labhairt eatorra féin, a' spaidsearachd sìos 'us suas air feadh an t-seòmair. Ach a lion cuid us cuid bhlàthaich iad gu maith leis na h-argumaidibh a bha eatorra; an rìgh a' sparradh air an Iarla na boinn a bh' eadar e féin 's na murairean eil' a bhriseadh, agus a thighinn gu bhì 'na charaid do 'n rìgh, 's gu 'm faigheadh e sin ni bu tarbhaiche dha féin air a' cheann mu dheireadh. Ach bha 'n t-Iarla gu neo-eisimeileach a' freagairt nach deanadh e sud, 's nach b' fhiach luchd comhairl' an rìgh earbsa sam bith a chur annta, 's gu 'n robh e féin 's iadsan a deanamh ain-tighearnas thairis air an rioghachd. Mu dheireadh, thainig spiorad teinnteach Sheumais gu leithid de àirde 's nach gabhadh e cumail fodha. "A bhrathadair fhoilleil," ars esan, 's e toirt tarruing air a bhiodaig, "mur bris thus' am bann brisidh so e." Shàth e bhiodag 'na sgòrnan, 's gu grad a ris na bhioinn. Bha Sìr Padruig Mac-'Ille-Ghlais 'na sheasamh dlùth dhoibh, 's a shuil 's a chluas 'an cleachdaidh. Cha bu luaith a chunnaic e

'n rìgh a sìneadh làimhe thun an nàmhaid na thug e féin an ath bhuille dha leis an do leag e 'n truaghan leonta gu làr, le tuaigh-chath' a bha 'na làimh. Chuir gach fear eile de na cùirteirean làmh 's an droch ghniomh, 's an ùine ro-ghoirid bha sea lota fichead 'an corp an Dùghlasaich, a bhàsaich gun fhocal a radh. 'S ann an seòmar uachdrach a bha iad. Chaidh an uinneig fhosgladh, 's an corp reubta thilgeadh a mach do chùirt a' chaisteil. Mar so fhuair mortair Mhic-Leaghlain a dhinneir dhubh.

Ach bha crìoch shearbh aig a ghnòthuch a bha 'n sud. 'N uair a chual a bhràithrean gu 'n robh an t-Iarla air a mhòrtadh ghairm 'us dh'aidich iad air bail am fear bu shine dhiubh féin 'na Iarla 'na àite. Bha gach fear dhiubh 'na thighearna fearainn cumhachdach, aig an robh moran luchd-leanmhuinn. Thionail iad moran dhaoine leis an tainig iad air ais gu Sruileadh, 's na loisg 's na chreach iad moran de 'n bhaile. Ach bha 'n caisteal ro làidir air son iad a thoirt ionnsuidh air. An deigh sin thog iad ceannairc co eagalach air feadh taobh deas na rioghachd 's gu 'n tainig e gu bhi 'na cheist air an rìgh co-dhiù a b'è ruith le 'bheatha do Shasunn a b' fhearr dha, 's an rioghachd fhagail aig an Iarla féin, no fuireach a' cath riu. Fadhèidh, le comhairlibh easbuig Ceanadaidh, fhuair e aon de na morairean bu chumhachdaiche 's a' chomhbhoinn air a dhealachadh ris an Dùghlasach; b'è sin Iarl' Aonghais, a bha e féin de theaghlach nan Dùghlasach. B' éigin a nis do 'n Iarla Dhùghlasach teicheadh le 'bheatha gu ruig Sasunn. Bhuilich an rìgh air Iarla Aonghais am fearann 's an inbhe gu h-iomlan a bhuineadh do 'n fhear eile. Mar so thogadh am focal gu 'n do chuir an Dùghlasach ruadh sìos an Dùghlasach dubh.

Fhuair rìgh Seumas a nis beagan lasachaidh air son an aire thoirt do ghnòthuichibh a rioghadh. Thachair gu 'n robh caisteal laidir Rocsburgh air a' chrìch 'an cumhachd nan Sasunnach riamh o bha Daibhidh II. na bhraighdeanach aca. Chuir rìgh Seumas a nis séisd ris a' chaisteal so air son a thoirt fo lagh dha féin. Bha e féin agus àireamh de àrd-uaislean mu choinneamh a' bhalla a' faicinn cionnus a bha Bateri de ghunaidhean mor' a shuidhicheadh na 'n aite ri cluicheadh. Sgoilt aon de na gunnaidhean sin as a chéil' aig losgadh làdaich, 's bhual aon de na sgealban an rìgh 's a' bhroinn, a mharbh air a' bhad e, anns an deicheamh bliadhna fichead de 'aois. An uair a chual a' bhan-rìgh mar a thachair ghreas i thun a' chaisteil, 's dh' earalaich i air na saighdearaibh tuireadh a leigeadh dhiubh an là sin, 's an ni bh' aca r'a dheanamh a thoirt gu crìch mhaith, mar onair ris an fhear a dh' fhalbh. An uair a chunnaic na h-oifigich curantachd na ban-rìgh 's an t-suidheachadh 's an robh i, chuir iad sùrd air a' ghearaston a ghlacadh, 's thuit e 'n an làmhaibh gun dàil. Tha cuid ag radh gun do chuir iad gu bàs ceannard a' Chaisteil le feirg air son na chaill iad féin ris. Tha craobh chuillinn 'am pàirc caisteil Fleurs fathast a' comharrachadh a mach an àit anns an do thuit an rìgh.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.

CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seòrsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 176]

[Vol. 6. No. 22. p. 8]

Leomag.

(Air a leantuinn.)

Chaidh Fionnladh gu luath 'n a coinnimh;
Sheas e le 'bhoineid 'n a laimh;-
"Is doirbh an latha, Mhiss Leomag,
A thug sibh, o 'n t-sroin, a nall.

Tha am monadh momha 's fiadhaich,
Is iargalt tha dreach nan speur,
'S cha bhiodh ann ach ni gun chiall duibh
Dol g' a fhiadhainn 's sibh leibh fein.

Thigibh tiota beag gu fasgadh,
'S am faigh mi a' chairt 's an t-each bàn;
Dh' easbhuidh suidheachan is boidhche,
Bidh boitein math feoir 'n a màs."

Bha gach ni gu deas 'n a uidheam-
Sud Leomag 'n a siubhal troimh 'n t-sian,
A's Fionnladh 'n a shuidhe lamh rith',
Le 'bhreacan glas, blath 'g a dion.

Thainig i gu ceann a turais;
Oir cha robh cunnard dhi fo 'laimh;
'S dh' fhag e i gun chnead, gun fhailing,
Gu sabhailte 'n a h-aite taimh.

"'S mor an diubhail," arsa Leomag,
"Ma theid Mac-Leoraidh as gu saor,"-
Thilg i an t-saighead gu seolta,
'S air mo bhòid! cha robh i maol.

M' an d' rainig e ceann an rathaid,
Dh' fhairich e acad 'n a chòm;
'S an uair a dh' eirich e's a' mhadainn,
Bha 'osnaidhean fad agus trom.

Bha Fionnladh 'n a dhiunlach laidir
A shiubhladh an fhasach mar fhiadh;
Ach a nis tha 'neart 'g a fhagail,
'S cha 'n 'eil aige cail gu biadh.

'S i Leomag a rinn a dhochnadh,
'S a chumas e 'n a bhoil' a chaidh;
Tha i 'n a smaointe 's an latha,
'S 'n a aisling an cadal na h-oidhch'.

Anns an fheasgar shìochail, bhoidheach,
'S na h-eoin a' cluich am barr nan geug,
An aite 'radh, "An cluinn thu 'n smeorach!"
'S e "Leomag" a thig 'n a bheul.

Uair-eigin mu àm na Callainn',
Chaidh e le caraid gu bal;
Mu 'n chois dheis gu 'n chuir e stocaidh,
'S mu 'n chois thoisgeil osan gearr.

"Ciod a their mi," arsa Fionnladh,
"Ris na caochlaidhean tha ann?
Bheil an saoghal air dol tuaitheal,
No 'n tuaineulaich 'th' air teachd am cheann?"

"'Bho 'n latha 'thachair mi air Leomag
Tha m' inntinn fo sgleo gu leir;
Mi'm bhall-fanoid aig na h-eolaich,
'S am iongantas ro mhor dhomh fein.

“’S beag nach saoil mi ann am bhreislich
Gu bheil an deas air dol gu tuath;
’S an uair a sheideas gaoth romh m’ chlàraidh,
’S e ceol na clairsich ’bheil am chluais.

“An t-uisge a bha fuar a’ sileadh
’N a bhoinnean minic o a ciabh,
Gheobh mi e ’n a shruithean blatha,
A’ siubhal gum tamh troimh mo chliabh.

“Fhad ’s a bhunaicheas an latha,
Tha ’h-ìomhaigh ga m’ leantainn a chaoidh;
’S an uair nach leir do m’ shuil a faileas,
Thig a h-anail orm ’s a’ ghaoith.

“Och gur mise th’ air mo riasladh
Le spleadhachas a bhos a’s thall!
’S mur a’ faigh mi fois o m’ iarguin,
’Cha ’n fhada gus an liath mo cheann.

“’S iomadh cuspair a tha ’dusgadh
Na cnuimh ciurrail ’tha ga m’ leon;
Tha ’n druidheachd gu cinnteach laidir,
A rinn mo shàrachadh cho mor.

“Ma tha mi le m’ chairt air thuras,
Bidh mi muladach leam fein;
’S ma bheir mi am boitean feoir leam,
’S ann chuireas e mo bhron am meud.

“Tha rud a nise nach robh roimhe
An ceann ’s an dronnaig an eich bhàin
Tha ’m breacain fein air fas neonach,
Leis ’n do chum mi Leomag blath.

“’S tric mo smuainte air an aille
A choisinn anns gach àite buaidh;
Mus a h-i a rinn mi craiteach,
’S i fein a bheir dhomh slainte bhuan.

“A’s ciod air son a dheanainn maille?
Tha bhi ’fantainn ’n a ni faoin;
Mar bhios an ceangal n’ is tràithe,
’S ann is blaithe bhios an gaol.”

’N sin thoisich Fionnladh gu sgoinneil
Air a thigh a chur air doigh;
Rinn e na seomraichean soilleir,
A cur gloine ’n aite bhord.

(Ri leantuinn.)

THA DROCH ANAIL
mi-thaitneach.

Tha géireachd, losgadh-bràghaid, gaotharachd, agus meuran eile de
Chion-cnamhaidh a deanamh iomadh neach mi-shona.

Bheir K. D. C. agus <eng>K. D. C. Pills<gai> an anail gu bhi mar is
còir dha bhi, agus leighsidh iad cion-cnamhaidh, 's gach seòrsa
tinneas-stamaig.

AIR AN DEAGH MHOLADH.

Sampuill a Nasguidh.
<eng>K. D. C. Company, Limited, New Glasgow:
N. S.<gai> agus <eng>127 State St. Boston, Mass.<gai>

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - - C. B

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

FLUR AGUS MIN
direach as na muillnean.
(Ann am barailtean, leth-bharailtean agus cairteil.)
TI, SIUCAR, TOMBACA, etc.
Am bathar a's fhearr air na prisean a's isle an coinneamh AIRGEID.
ALASDAIR MARTUINN.
Sidni, C. B., <eng>Sept. 1, 1897.<gai>

[TD 177]

[Vol. 6. No. 23. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE 3 DESEMBER. 1897. No. 23.

Na Coinnleanan Gaidhealach.

Bha Aonghas Mòr Mac Amhlaidh, Fear Linne-bharraich, 'na dhuine treun, uaibhreach, ged nach robh a chuid an t-saoghail ro mhor. Cha robh an oighreachd ach beag, bochd; agus ged a bha fleadhachas agus faoile, agus gach somultachd ri fhaighinn ann an Linne-bharraich, feumar aideachadh nach robh mòran de fhior shaibhreas ri fhaicinn air dreach no air uidheamachadh a' Chaisteil; agus cha mhò bha a' bheag de mhaoin ann an sporan no fo los Aonghais Mhòir. Coma co dhiu, mar is tric a dh' eirich do na tighearnan Gaidhealach, cha 'n fhoghnadh le Aonghas ach gu 'm feumadh e an drasd agus a rithist turas a ghabhail mu dheas; agus cha bu ainmic a thug a "mheud-mhòir gun chur leatha," cho math ris an uabhar aig Aonghas amlisg nach bu bheag air fhein agus air a chairdean. Cha b' ann aon uair no dà uair a bha e an eismeil cruadhs nan dorn agus faobhar nan claidheamhan aig a chuid ceatharnach 'ga shaoradh as na h-aimhreitean a, thog àrdan Aonghais air feadh nan Gall agus nan Sasunnach. Uair de na h-uairean a bha Aonghas Mor air turus ann an Sasunn, thuit da a bhi air aoidheachd ann an lùchairt ghreadhnaich a bhuineadh do Ridire Sasunnach. Chaidh cuirm mhor ullachadh ann at talla-aoidheachd an taighe mhoir, agus shuidh Aonghas Mor sios aig a' bhòrd comhla ris an Ridire agus àireamh mhor de aoidhean Sasunnach eile. Am measg gach greadhnachas a bha anns an t-seomar bha sia coinnelean de dh' airgid fìor-ghlan, cho mor ris an fheadhain a b' àbhaist a bhi ann an eaglais Dhun-Bhlathain. "Cuiridh mi geall," ars' an Ridire Sasunnach, "nach 'eil an leithidean sin de choinnelean romhach anns an dùthaich as an d' thainig thusa." Cha'n fhaca MacAmhlaidh am fear sin do an ceadaicheadh e cur sios air a dhùthaich, agus fhreagair e gun mhaille, "Is mi a chunnaic; tha agamsa ann am Chaisteal fein coinnelean gu leòr, agus coinnelean fada is fearr na iad sin, luachmhor, briagha ged a tha iad." Is e bu dheireadh gu'n do chuir na feara geall dà cheud punnd Sasunnach mu an ghnòthach, agus chaidh latha a shuidheachadh air an ruigeadh an Ridire agus fear eile de na h-uaislean Sasunnach Caisteal Linne-bharraich, a dh' fhaicinn nan coinnelean aig MacAmhlaidh. Chaidh MacAmhlaidh dhachaidh, ach mar a bha an latha a' tighinn dlùth air an robh na Sasunnaich ri bhi aige, thug daoine an aire gu 'n robh e fo smuairdean air chor-eigin agus luchd trom air inntinn. Oir bha fios gu math aige gu 'n cailleadh e an geall, a chionn nach robh coinnelear an t-saoghal aige anns a chaisteal a b' fhiu sealltain air an coimeas ris na coinnelean mora aig an t-Sasunnach. Gus a' chùis a dheanamh na bu mhiosa ged a bha

Mac Amhlaidh uasal gu leòir 'na ghiùlan, cha robh [?] lar e agus am bàs na phaidheadh an ge[?] gus bha dearbh fhios aige nach bith [?] baigh no trocair anns na Sasunnaich [?] na robh a choltas ach gu 'n rachadh [?] chuid a narachadh agus a sgrios. [?] maduinn a' latha a bha na Sasunnaich [?], dh'innis Mac Amhlaidh do ghille [?] a bha aige do 'm b' ainm Domhnall, ciod a bha a' cur iomaguin air. Nuair a chuala Domhnall mar bha, is e thuirt e, "Ma ta a dhuine mo ghaoil, cha 'n eil e [?] dhomhsa a bhreithneachadh ciod a ni sinn. Tha e 'na ni dearbh-chinnteach nach eil coinnlear an t-saoghal anns a' Chaisteal ach an seann fhear iarunn a bha ann o linn nan linn, agus am fear a rinn an Ceard Ruadh a bhliadhna roimhe. Is i mo chomhairle duibh, cho luath agus a thig na Sasunnaich, beireachdainn air amhaich orra agus an cur anns a' bhrargas air cul a' Chaisteil gus am fuasgail iad sibh as a' gheall; agus is neonach leamsa mur bi iad gle thoileach tilleadh dachaidh mar thainig iad." Co a bha lathair nuair a bha Mac Amhlaidh agus Domhnall ris a' chomhradh so, ach Fiosaiche Mhic Amhlaidh, duine trom-cheannach, iongantach, a bha cuid a dhaoine a' meas gu 'n robh e rud beag gann de thoinisg; ach is e is coltaiche gur ann a bha e "glic, gorach, mar a bha Deorsa Buchanan." Nuair a chuala e a' chomhairle a thug Domhnall air Mac Amhlaidh thug e leum as, thog e a làmh gu bagarrach, agus ghlaodh e le corruich: "Na faiceam an latha anns an dean mo cheann-cinnidh gnìomh cho taireil, cho mi-airidh, agus cho eucorach. B' fhearr leam fhaicinn air a reic a mach air an dorus a dheanamh lan diolaidh do na Sasunnaich, na gu 'n rachadh a ràdh uime gu 'n do rinn e ni cho tamailteach." Anns a' bhruiddhinn a bha ann ciod ach gu 'm faca iad an Ridire Sasunnach agus a charaid a' tighinn. "So iad a' tighinn," ars am Fiosaiche; "rach thusa Dhòmhnall agus cuir dòigh air biadh daibh; thugadh sibhse as an rathad iad gus am bi gach ni ullamh, agus fàgaibh an geall agus na coinnlearan an earbsa riumsa." Rinn Mac Amhlaidh agus Dòmhnall mar a dh'iarradh orra, agus gheall am Fiosaiche gu'n cuireadh e Dòmhnall a thoirt sanais do na h-uaislean nuair a bhithheadh gach ni ann an uidheam air an son. An deidh bheul na h-oidhche, chaidh Dòmhnall a staigh far an robh Mac Amhlaidh gu trom tiamhaidh a' strith ri conaltradh a chumail ris na Sasunnaich, agus ars esan, "A dhaoine-uaisle, tha a' chuir ullamh, agus tha na coinnlean laiste." Dh' eirich na Sasunnaich agus Mac Amhlaidh, agus ghabh iad a staigh do thalla na cuirme; agus ma ghabh is ann an sin a bha an sealladh. Bha am bord mòr daraich air a chomhdach le biadh de gach seorsa agus àiteachan-suidhe mu a thimchioll do na h-aoidhean, a reir an inbhe agus an aireimh. Air cùl gach aite-suidhe sheas Gaidheal foghainteach 'na fheile breacain preasach, boineid air a cheann, làmh dheas air crambaid a chladheimh le barr air an ùrlar; agus ann an làimh chli gach fir dhiubh leus mòr, lasrach, de ghiubhas bac-mona, a' tilgeil soluis dheirg air gach taobh, anns an robh loinnreachd an armachd a' dearrsadh cho soilleir agus gu'n d' thug e doille air suilean nan Sasunnach. Mu an robh uine aca air tighinn as a phlathadh a chuir an sealladh orra, thàinig am Fiosaiche a nall, agus a' tionndadh barr a chladheimh ri luchd nan leus, thuirt e gu h-uaibhreach, "Seallaibh, a dhaoine-uaisle, coinnlearan luchairt mo chinn-chinnidh, seann chleachdamh ar sinnsre. Cha'n aithne do dhuine dhiubh sin ach lagh facal an ceannaird. An coimeasadh sibh an leithidean sin ris an airgiod no ris an òr is luachmhoire a chaidh riamh a chladhach a talamh? Ciod a

tha sibh ag ràdh, a dhaoine-uaisle, an do bhuidhinn no an do chaill sibh bhur geall?" "Chaill sinn, chaill sinn, gun teagamh," ars an Ridire Mòr. "So," ars esan agus e a' tionndadh ri Mac Amhlaidh; "so do chuid airgid; is math a choisinn thu an geall." "Mo mhallachd air a cheann ma ghabhas e peighinn uaibh," ars am Fiosaiche, "Is leòir an ni e nach 'eil sibh a' tagar uaith a chodach fein." "Agus a nis," arsa Mac Amhlaidh. "bi cho math agus na coinnlearan a thoirt air falbh; tha mi am beachd gu'n ith na h-uaislean Sasunnach an cuid bidh gu lan mhath le solus nan seana choinnlearan iarainn." Ceart mar a dh'iarr an t-uachdaran, thug am Fiosaiche facal ordugh do na coinnlearan riomhach, Gaidhealach, thog gach fear diubh a chlaidheamh ri a ghualluinn; choisich iad gu ordail a mach as an talla, agus dh'fhàg iad na h-aoidhean a dhol an cinnseal na cuirme.— An Gaidheal Albannach, 1885.

[TD 178]

[Vol. 6. No. 23. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UAISLE.

CAIB. XXII.

Ghabh mi truas rig a' bhoirionnach bho chd an uair a chunnaic mi i a' sileadh nan deur, agus thuirt mi, "Mo dheadh bhoirionnach, na bi 'cur dragh' ort fhein; tha mise deonach am fabhar a tha thu 'g iarraidh orm a thoirt dhut. Innis dhomh c'aite am bheil taigh na bainnse, agus theid mi ann cho luath 's a chuireas mi umam aodach freagarrach."

An uair a chual am boirionnach gu'n robh mi gus a dhol thun na bainnse bha aoibhneas anabarrach oirre, agus mu 'n do tharr mi an aire 'thoirt ciod a bha i dol a dheanamh, thug i pog dh' am chasan. "A bhean-uasal charanach, bheir Dia paigheadh dhutsa air son a' chaoimhneis a tha thu nochdadh dhomhsa, agus bheir e aoibhneas dhut mar a tha thu fhein a toirt do mhuintir eile. Tha e tuilleadh is trath dhut falbh thun na bainnse. Foghnaidh dhut falbh an uair a thig mi fhein g' ad iarraidh feasgar. Mo bheannachd gu 'n robh agad gus an till mi g' ad iarraidh."

Cho luath 's a dh' fhalbh i chuir mi umam an deise 'b' fhearr a bh'agam, agus chuir mi bann-seud mu m' bhraighe agus mu chaol mo dha dhuirn, agus failbheagan oir 'nam chluasan, agus fainneachan daoimein air mo mheoirean; oir bha m' inntinn ag innseadh dhomh gu 'n robh ni eigin gu tachairt dhomh.

Ann am beul na h-oidhche thainig an t-seana bhean g' am iarraidh, agus coltas gle aoidheil air a h-aghaidh. Phog i mo lamhan agus thuirt i, "Mo bhaintighearna ghaolach, tha luchd-daimh an fhir a tha 'dol a phosadh mo nighinn, eadhon ard mhnathan-uaisle 'bhaile, a nis air cruinneachadh; faodaidh tu tighinn uair sam bith a thogras tu,

tha mise a' feitheamh ort."

Gun dail sam bith dh' fhalbh sinn. Bha ise air thoiseach, agus bha mise agus mo mhnathan-cuideachd 'g a leantuinn. Stad sinn ann an sraid ghlain, fharsuing, aig geata mor maiseach. Os cionn a' gheata bha lainntear laiste. Le solus an lainntir leugh mi an sgriobhadh so, a bh' ann an litrichean oir;—"So aite-còmhnuidh na sithe agus an t-sonais mhaireannaich."

Bhuail an t-seana bhean aig a gheata, agus ghrad dh' fhosgladh e. Thugadh a steach do thalla mor, maiseach mì far an robh baintighearna og a bha anabarrach maiseach. Chuir i failte orm gu caoimhneil, agus thug i orm suidhe air cathair a bha cho briagha 's gu 'm foghnadh i do 'n righ fhein.

"A bhaintighearna," ars' ise, "thugadh cuireadh dhut gu tighinn an so gu banais; agus tha dochas agam gu 'n tachair am posadh air doigh nach do smaoinich thu. Tha brathair agamsa, agus tha e air dhuine og cho maiseach 's a th' anns an t saoghal. Thuit e ann an trom ghaol ortsa, oir chuala e gu 'n robh thu anabarrach ma seach, agus mur pos thusa e cha bhi duine 's an t-saoghal cho mi-shona ris. Tha mi 'n dochas gu 'n gabh thu truas rìs. Tha fhios aige air a h-uile maitheas a th' annadsa, agus theid mi 'n urras dhut gu 'm bheil e airidh air gu 'm posadh tu e. Tha mise 'na ainmsan a' guidhe gu durachdach ort gu 'm pos thu e."

An deigh bas m' fhir, cha do smaoinich mi riamh gu 'm bu chor dhomh posadh an dara uair; ach cha robh e 'n comas dhomh an tairgse so a dhiultadh. Dh' fhan mi samhach agus thainig m' fhuil 'nam aodann. Bhuail a' bhaintighearn' og a basan ri cheile, agus ghrad dh' fhosgladh dorus closaid a bha 'n taobh an t-seomair, agus thainig duine og eireachdail, air an robh fìor choltas na h-uasle 'mach as a' chlosaid, agus shuidh e ri m' thaobh. An uair a chunnaic mi e thuirt mi rium fhein, ma tha e cho maiseach 'na nadar 's a bha e 'na choltas, gu 'n robh mi gle fhortanach. [?] uair a thug mi greis air seachas ris, [?] mi gu 'n robh e moran na bu tlachdmhoir [?] dh' innis a phiuthar dhomh.

An uair a chum [?] a phiuthar gu 'n robh sinn toilichte le [?]e, bhuail i a basan ri 'cheile an dara turas agus thainig sgriobhaiche steach do 'n t-seomar. Gun dail sam bith sgriobh e cumhnantan a' phosaidh, agus chuir ceathrar an ainmean ris mar fhianuisean. B[?] t-aon ni a thug am fear a phos mi orm a ghealltainn dha, nach leiginn ris m' aghaidh a dh' fhear sam bith, agus nach mo na sin a bhruidhninn ri fear sam bith ach e fhein. Agus thuirt e rium nan deanainn mar a bha e 'g iarraidh orm, nach biodh aobhar agam gu brath a bhith 'gearan air. So mar a phosadh sinn, agus an aite bhith air banais dhaoine eile is ann a bha daoine eile aig mo bhanaid fhein.

An uair a bha sinn mu mhios posda dh' iarr mi air cead a thoirt dhomh a dhol a cheannach aodaichean a bha dhith orm, agus thug e dhomh cead. Thug mi leam an t-seana bhean comhladh rium, agus dithis dhe na mnathan-cuideachd.

An uair a rainig sinn an t-sraid air am bheil na marsantan a' fuireach, thuirt an t-seana-bhean rium, "A bhanamhaighistir, o'n is e sioda a tha dhith ort, is ann a theid mi leat far am bheil marsanta og air an robh mi eolach. Tha e 'reic a h-uile seorsa sioda. Caomhnaidh e dhut a bhith 'falbh o bhuthaidh gu buthaidh. Tha mi deimhin gu'm bheil iomadh seorsa aige nach 'eil aig fear eile."

Ghabh mi gu toileach a comhairle, agus chaidh sinn do 'n bhuthaidh aig a mharsant' og. Shuidh mi agus dh' iarr mi air an t-seana mhnaoi bruidhinn ris a mharsanta air mo shon, agus a radh ris e 'shealltain domh an t-sioda' b' fhearr a bh' aige. Thuirt i rium mi bhruidhinn air mo shon fhein. Ach dh' innis mi dhi gu 'n do gheall mi an oidhche a phos mi nach bruidhninn ri fear sam bith ach ri m' fhearposda fein, agus thuirt mi rithe gu 'n robh e mar fhiachan orm cumail ri mo ghealladh.

Sheall am marsanta dhomh caochladh sheorsachan sioda. Chaidh fear dhiubh rium gle mhath, agus dh' iarr mi air an t-seana mhnaoi pris an t-sioda fhoighneachd dheth. Thuirt e rithe, "Cha reic mi an sioda air son airgid no oir, ach bheir mi dhi an nasguidh e ma leigeas i dhomh pog a thoirt dhì air a lethcheann."

Thuirt mi ris an t-seana mhnaoi a radh ris gu 'n robh e gle mhi-mhodhail an uair a dh' iarradh e a leithid a ni. Ach an aite bruidhinn ris mar a dh' iarr mi oirre, thuirt i rium, "Cha 'n eil am marsanta 'g iarraidh moran ort; cha leig thu leas bruidhinn ris; foghnaidh dhut do leithcheann a chumail ris, agus bidh an gnothuch seachad ann an tiotadh."

O'n a bha 'n sioda cordadh rium cho math bha mi cho gorach 's gu 'n do ghabh mi a comhairle. Sheas an t-seana bhean agus na mnathan-coimhideachd mu 'n cuairt orm a chum nach fhaiceadh duine sinn, agus thog mi am brat bhar m' aghaidh; ach an aite pog a thoirt do m' leithcheann, is ann a thug am marsanta lan 'fhiacalan as.

Thug an cradh, agus an clisgeadh a ghabh mi orm tuiteam ann an neul; agus bha mi cho fad' ann 's gu 'n d' fhuair am marsanta uine gus a' bhuth a dhunadh agus e fhein a thoirt as. An uair a thainig mi as an neul, bha mo leithcheann lan fala. Chomhdaich an t-seana bhean mo cheann is m' aghaidh a chum nach fhaiceadh na daoine a bha falbh, na sraide mar a bha mi. Bha i fo dhragh inntinn gle mhor air son mar a thachair dhomh, agus dh' fheuch i cho math 's a b' urrainn di ri misneach a thoirt dhomh. "Mo bhanamhaighistir ghaolach," ars' ise, "tha mi 'g iarraidh mathanais ort, oir is mise bu choireach gu 'n d' thainig am mi-fhortan so na do rathad an uair a thug mi thu far an robh am marsanta so, a chionn gu 'n robh e 'na fhear duthchadh dhomh. Ach cha do smaoinich mi riamh gu 'n deanadh e gnìomh cho eucorach ri sid. Na bi fo bhron. Greasamaid dhachaidh; agus bheir mise dhut cungaidh a leighiseas thu ann an tri latha, agus cha bhi athailte ri fhaicinn ort."

Bha mi cho lag 's gur gann a choisichinn. Mu dheireadh fhuair mi dhachaidh, agus chaidh mi anns an dara neul an uair a bha mi 'dol

do'n t-seomar. Ach thug an t-seana-bhean dhomh cungaigh a dhuisg mi as an neul ann an uine ghoirid, agus chaidh mi do 'n leabaidh.

Thainig fear an taighe dhachaidh 's an oidhche, agus an uair a chunnaic e mo cheann air a cheangal suas, dh' fheoraich e ciod a bh' orm. Thuirt mi ris gu 'n robh mi 'n dochas nach cuireadh e an corr cheisdean orm. Ach rug e air coinnil agus sheall e air mo cheann, agus chunnaic e gu 'n robh mo leithcheann air a ghearradh.

"Cia mar a thachair so dhut?" ars' esan. Ged nach robh mi gle chiontach, cha robh de mhisnich agam na dh'innseadh an fhirinn dha. A bharrachd air sin, bha mi 'smaoin-

[TD 179]

[Vol. 6. No. 23. p. 3]

tean nach robh e iomchuidh dhomh aideachadh dha mar a thachair a' chuis. Air an aobhar sin thuirt mi, "An uair a bha mi 'dol a cheannach an t-sioda, thachair portair rium air an robh eallach fiodha, agus anns an dol seachad orm 's mi 'coiseachd roimh shraid chaoil, bhuaill fear dhe na maidean orm anns an leithcheann; ach cha do ghortaicheadh mor mi idir.

An uair a chuala e so bha e ann am feirg anabarraich, agus bhoidich e gu 'n deanadh e dioghaltas air a h-uile portair a bh' anns a' bhaile. "Bheir mi ordugh am maireach do fhreiceadain a' bhaile a h-uile fear dhe na beistean a ghlacadh agus an crochadh."

O 'n a bha eagal orm gu 'n rachadh moran de dhaoine neo-chiontach a chur gu bas air mo shaillibh, thuirt mi ris, "A thighearna, bhithinn gle dhuilich eucoir cho mor a dheanamh air daoine neo-chiontach. Tha mi 'guidhe ort nach dean thu mar a tha thu 'g radh. Cha tugainn mathanas dhomh fein gu brath nam bithinn 'nam mhathair-aobhair air a leithid a dheanamh."

"Innis an fhirinn dhomh," ars' esan, cia mar a lotadh thu."

Thuirt mi ris, gu'n do lotadh mi le coire fir a bha reic sguaban air an t-sraid.

"Ma tha sin mar sin," ars' esan, "bheir mise ordugh gu math moch am maireach do 'n ard-chomhairleach a h-uile fear a tha reic sguaban a ghrad chur gu bas."

"An ainm Dhe, tha mi 'guidhe ort," arsa mise, "gu 'n toir thu mathanas dhaibh, oir tha iad neo-chiontach."

"Cia mar sin" ars' esan, "ciod a tha mi gus a chreidsinn! Innis dhomh mar a thachair, oir tha mi lan shuidhichte gu 'm faigh mi mach an fhirinn o do bheul fhein."

"Thainig tuaineal 'nam cheann, agus thuit mi; sin mar a thachair,"

arsa mise.

An uair a chual' e so, chaill e 'fhoighidin gu buileach glan. Thuirt e, "Bha mi tuilleadh is fada 'g eisdeachd ri do chuid bhreug." Bhual e a dha bhois ri 'cheile, agus ann an tiotadh thainig triuir sheirbheiseach a steach do 'n t-seomar, "Spionaibh am mach as an leabaidh i, agus cuiribh air meadhon an urlair i," ars' esan.

Rinn iad mar a dh' iarradh orra; rug fear dhiubh air mo cheann, agus am fear eile air mo chosan, agus chuir iad air an urlar mi. Dh' iarr e air an treas fear claidheamh a thoirt g' a ionnsuidh. An uair a thug e steach an claidheamh thuirt e ris, "Dean da leth oirre, agus tilg do 'n amhuinn i. Is e so am peanas a ni mi air a' mhuinntir do 'n robh tlachd agam, agus nach cum ri 'n gealladh."

An uair a chunnaic e nach robh an seirbhiseach toileach umhlachd a thoirt dha thuirt e, "C'ar son nach eil thu 'g a bualadh? Co a tha 'g ad chumail air ais? Co ris a tha thu 'feitheamh?"

(Ri leantuinn.)

Am MAC-TALLA gu deireadh na bliadhna 1898 air son dolair. Cuir dolair 'ga iarraidh gun dàil.

Innsean na h-Airde 'n Ear.

Shoirbhich le cuideachd nam marsantan Breatunnach ann an doigh agus ann an tomhas iongantach ann an <eng>India<gai>. Faodaidh sinn a bhi cinnteach nach robh dochas no iarrtus aig a chuideachd ud, an uair a thoisich iad air a malairt a dheanamh ann an aite no dha ann an <eng>India<gai>, gu faigheadh iad ughdarras anabarrach anns an dùthaich, agus gu bitheadh iad 'n an righrean morail, murnach aig àm air bith anns an tir theith so. Feumaidh sinn an diugh aideachadh nach robh na h-Innseanaich ann an <eng>India<gai> a mhain breugach, an-ìochdmhor, seolta 's cuilbheartach. Cha 'n eil eachdraidh na cuideachd ud saor bho eucoir, 'us sannt, 'us gnìomharan carach, cruaidh-fuileachdach. Ged a bha 'chuideachd laidir, bheartach so 'leantuinn an comhairle 's a' deanamh sith 'us cogaidh a reir an toil mhaith fein, ged a bha iad a' roghnachadh nan daoine bho àm gu àm a' riaghladh na dùthcha air an d' fhuair iad cumhachd 'us coir, bha comas aca daonnan air ceanna [?] 'us saighdearan dearga fhaotainn [?] Bhreatunn airson cogadh dian a dheanamh an aghaidh Raiah no rioghachd air bi[?] an <eng>India<gai>. Gheibh iadsan aig am bheil [?] do ghniomharan gaisgeil, cruad [?], euchdach, iomadh dearbhadh air gaisge nan Gaidheal anns gach cogadh a thachair ann an <eng>India<gai>, o'n fhuair cuideachd nam marsantan inbhe 's cumhachd innte. Anns gach blar 'us cogadh a bha ann an [?] bho cheann ceud bliadhna, nochd na Gaidheil tapadh, 'us eolas, 'us gaisge iongantach. Feumar aideachadh gu soilleir gu buin do na ceannardan 'us do na saighdearan Gaidhealach, cliu 'us moladh mor airson gach treubhantas a rinn na Breatunnaich riamh ann an <eng>India<gai> 's airson gach inbhe urramach, 'us gach morachd

statail, a bhuineas do Bhreatunn ann an <eng>India<gai>. An uair a fhuair na h-Innseanaich buaidh air an fheachd Bhreatunnach a bha air fhagail mar fhreacadan ann an Seringapatam, chaidh na ceannardan a chur ann am prìosan duaichni lathaich, far nach d' fhuair iad biadh no deoch air bith agus far an robh iad am feadh a bha ocras eagalach orra, rinn iad oidheirp air greim a dheanamh air gach creutair diblidh, snaigeach airson lon muladach fhaotainn doibh fein. Fhuair na Breatunnaich a rithist lamh an uachdair ann an Seringapatam, agus chaidh ceannard caoimhneil, mearganta le deifir mhor a dh' iarraidh a bhràthair a bha 'na choirneal anns an arm, agus a bha ann an toll salach, dorcha anns a' bhaile mhor ud. An uair a rainig e an toll uamhasach, ghlaodh e 'mach, "Am bheil thu beo, bhràthair!" "Tha beo beag orm," ars 'n coirneal reachdmhor. Bha aig a' choirneal so oighreachd bhoidheach anns an sgìreachd anns an d' rugadh mise. Cha b' urrainn da riamh dol seachad air biadh air bith gun a thogail suas 'na charbaid. B' abhaist da bhi 'g radh r'a thuathanaich: "'Nam fulaingeadh sibh uiread ocras 's a dh' fhuiling mise, bhitheadh barrachd meas agaibh air gach buntata, 's arbhar, 's biadh a bhuineas duibh." Is e duine maith, faoilidh, carthannach a bha anns a' Choirneal Mac Alasdair. Is e Gaidheal foghainteach, ard-inntinneach, gasda a bha ann am ministear na sgìreachd. Cha robh e fein agus an coirneal a cordadh gu ro mhaith, aig an àm, mu chuisèan na sgìreachd. "Mur bitheadh an cota 'tha air do dhruim, bheirinn-sa ort," ars an coirneal. "Cuiridh mise dhìom an cota," arsa 'm ministear uaibhreach, urramach, neo-sgathach ris a' choirneal. Gu latha 'bhais, bha meas mor aig a' choirneal air a' mhinistear, agus cha tug e riamh tuilleadh oilbheum dha le cainnt nach robh aon chuid uasal no laghach. Gun teagamh bha aobhar cruaidh aig na rìghrean Innseanach spairn dhalma 'dheanamh agus cogadh durachdach, eagalach, goirt a chur airson an dùthcha, an daoine, an saorsa 's an luchairtean fein. Is dàn an coileach air a dhunan fein. Tha 'n gnath-fhocail so fìor, anabarrach fìor, agus air an aobhar so, cha 'n eil iognadh air bith gu do ghleachd tighearnan <eng>India<gai>, leis gach innleachd, 'us cruadal, 'us cuilbheart air an robh comas no eolas aca, airson buaidh a chosnadh air feachd 'us cuideachd nam Breatunnach. Thainig atharrachadh mor air beachdan 'us eolas nan Innseanaich ud mu dheibhinn onoir, 'us caoimhneis, 'us cairdeis, 'us cuideachaidh foghlumte, feumail agus neo-fheineil nam Breatunnach. Anns an onoir ghloirmhoir, dhìleas, ghasda, ionmholta 'chuir iomadh mìle ceannard, 'us saighdear, 'us uachdaran, 'us iochdaran air Ban-rìgh bheusach, mhaith, 'us iomraiteach Bhreatuinn ann an ceud mhìos an t-samhraidh a chaidh seachad, cha robh gradh a bu bhlaithè, cha robh meas a bu mhodha, cha robh carthannachd a b' airde, cha robh taingeachd a b' fhirinniche, 's cha robh urram a bu luachmhoire, 's a bu chluiteiche, 's a bu shnasmhoire, na dhearbh 'us a nochd Raiahs, no rìghrean <eng>India<gai>, leis gach òr 'us airgìod, leis gach neamhuid 'us clach luachmhor a bhuineas doibh. Is maith a tha fios aig rìghrean beartach <eng>India<gai>, aig am bheil eachdraidh uasal air sinnsirean a bha 'n an laoch laidir, fearail, dealasach air machair 'us faiche 'n air, gu bheil aca 'nis fo riaghladh Bhreatunn, sìth, seasmhachd, ceartas agus comas meamnach, dìongmhaltach, air an abhaistean fein a' leantuinn, air gach sonas 'us soirbheachadh a' mhealtuinn 'n an rìoghachdan 's nan crìochan fein, agus air gach sgath 'us eagal a chur fada, fada uatha, gu tig an

latha anns am feum iad an claidheamh a thoirt as a thruaill. Ni mi iomradh anns an ath litir air an aramach bhrùideil cheannairceadh a bhrìst a mach ann an <eng>India<gai> 'nuair a thainig crìoch air cogadh amaideach, fhuileachdach, chaillteach a' Chrimea.

CONA.

Cia meud 'sa phraigheas am MAC-TALLA, eadar so us Bliadhna' Ur? Am bi thusa aon dhiubh?

[TD 180]

[Vol. 6. No. 23. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 3 DESEMBER, 1897.

Litir o'n Chuairtear.

Bha lan dhuil again cùnntas a thoirt dhuit air mo chuid siubhail roimhe so, ach bha mi air mo chumail cho trang 's nach b' urrainn domh mionaid de 'n ùine ainmeachadh orm fhein no air MAC-TALLA. 'S iad na h-àiteachan troimh 'n deachaidh mi o'n sgrìobh mi ugad roimhe, Margaree, Loch Ainslie, Amhuinn Dhennis, an Amhuinn Mheadhonach, an t Eilean Mor, Amhuinn Sheòrais, Leitch's Creek agus St. Ann's. Cha 'n eil teagamh nach eil thu dhe 'n bharrail gu 'n deachaidh mi troimh àiteachan gu leòr, agus tha mi gle chinnteach gu bheil an t-each ruadh dhe 'n bharrail sin; le innse na firinn 'se sin mo bharrail fhein cuideachd. Na 'n rachainn a thoirt iomraidh dhuit air an darna leth dhe na chunnaic, 's na chuala, 's na dh' fhairich mi re na h-ùine sin, dhuineadh tu do chluasan mu 'm bithinn

leitheach 's theireadh tu, "Ma 's a ceòl feadaireachd, fòghnaidh leinne beagan dheth." Faodaidh mi innse dhuit mu gach àite 'n robh mi gu bheil aca saibhlean agus seilearan làna. Tha gu leòr aca ri ithe 's ri òl, agus 'si mo bharrail nach eil sinn a leth cho taingeil 's bu chòir dhuinn air son gu bheil ar còmhnuidh ann an tìr a tha cho fallain agus cho torach. Chuala mi an t-Urr. Mr. Friseal, ministear a Chladaich a Tuath, anns an eaglais a labhairt as leth muinntir Windsor, agus bheireadh e taiseachadh air a chridhe bu chruaidhe éisdeachd ris ag innse mar a bha an sluagh bochd sin a' cheud Sàbaid an deigh an teine, nach b' urrainn daibh amharc air a chéile gun na deòir a bhi sruthadh o an sùilean. Tha fhios gu 'n dean na h-eaglaisean, anns gach àite, na 's urrainn daibh de chuideachadh a dheanamh le muinntir Windsor. Ach cha 'n eil sinne idir a' cur an luach bu chòir dhuinn air an dùthaich thiorail, agus na dachaidhean seasgair anns am bheil sinn. Ged nach eil againn uiread dhe 'n òr 'sa th' aca anns a Chlondaic, no de na fasanan na th' aca 'm Boston, tha beòlaid mhath againn agus side fhallain. Bidh na h-igheanan gu tric 'gar fàgail 's an gruaidhean mar na ròsan, agus a' tilleadh ugainn gu neulach, glas, le 'm brògan biorach 's le 'n srònan biorach, agus iad a labhairt brochan cainnte nach eil ri cluinntinn thall no bhos ach aca fhéin-cànain a rinn iad fhéin air bòsd us cion an tùir.

Bha mi 'n dùil barrachd mor a sgrìobhadh ugad, ach tha nigheanan Bhoston an deigh mo chur air aimhreit, agus fàgaidh mi an còrr gu àm eile. Is mi do charaid,

AN CUAIRTEAR.

Litir a <eng>New Zealand.<gai>

(Air a leantuinn.)

Tha cuid de dhaoine a' togail fearainn aig nach eil eòlas sam bith air tuathanachas, agus cha 'n eil a dol leotha sin mar a's trice ach gu h-òlc. Bha aon fhear an so a' cur buntata, agus 'sann a sgap e na sgealban air feadh an raoir [?] a bhithear a deanamh air corca no air [?]hneachd. Thuirt fear a bha comhla [?] ach b' e sin an doigh cheart, ach b' [?] freagairt a fhuair e nach leigeadh e leas a [?] a dh' innse dhàsan, gu robh fhios aige gle mhath gu 'm b'e sid an dòigh cheart. Innsidh sin dhuibh an seorsa sluaigh a chithear air uaireannan an so a' saoithreachadh na talmhainn. Tha mi 'n dùil gu bheil fear [?] anns an earainn so de 'n dùthaich air nach faodar tàire dheanamh, agus tha 'n aimsir buileach àlluinn. Faodar fheòrach ciamar a roghnaich an sluagh an t-àite so. Tha a' cheist sin furasda freagairt. Ann an Astralia bha 'n t-Urr. Tormaid Mac Leòid agus a luchd-leanmhuinn air son suidheachadh air fearann, ach bha e cho daor 's nach b' urrainn slaibh a cheannach. Bha cuid de na Ceap Breatunnaich a leantuinn na mara, 'nam measg an Caiptean Murcha MacCoinnich. Thainig esan tarsuinn an so agus bha e 'fheòrach mu fhearann. Bha an Ridire Deòrsa Grey 'na Riaghladair air an dùthaich so aig an àm, agus thàinig so g'a chluais. Gun dàil sam bith thairg e dhaibh sgìre Waipu gun chumha sam bith ach iad a shuidheachadh

air, ni a rinn iad gu toileach. An uair sin bha am fearann aig na Maoirich, agus cha robh iad a' creic ach a chuid bu mhiosa dheth, agus sin fhéin a reir mar a bhiodh airgiod a dhith orra. Mar sin fhuair an fheadhainn a thainig mu dheireadh am fearann a b' fhearr. Bha ainm mor de na Ceap Breatunnaich mar chosnaichean, agus fhuair cuid de na soithichean a thainig an so cuireadh fialuidh gu dhol na b' fhaide deas gu suidheachadh air fearann, ach, mar a bha gle nàdurra dhaibh, roghnaich iad fuireach comhla ri 'n càirdeàn agus ri 'n luchd-eòlais.

IAIN ROTHACH.
Rudha Mharsden, N. Z.

So am fios a fhuair an Comunn Caledonianach o Ghaidheil Hamilton oidhche Di-màirt:-

Gu Comunn Naomh Andrais, Sidni, C. B.

Tha mi 'n so a cur leis an teachdaire chlis
Beannachd gu Clann Andrais le meas,
An dòchas gu'n cum sibh an oidhche le gean
Mar b' àbhaist do na daoine còire bh' ann o shean.

DUGHAL CAIMBEUL,

Air son Alasdair Mhic-a-Phiocair, Prìomh-uachdaran Comunn Naoimh
Andrais, baile-mor <eng>Hamilton, Ontario.<gai>

Chuir Gàidheil Lunnainn seachad oidhche chridheil, shubhach, o chionn ghoirid. Cha robh òran Gallda air a sheinn no facal Beurla air a labhairt fhad 'sa bha iad cruinn; bha gach seinn us leughadh us labhairt a bh' aca ann an seana chainnt uasal nam beann, a Ghàilig.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàilllearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,

<eng>Stewartdale, C. B.

Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."

Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.

Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.

Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.

Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.

Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa.

'GAN CREIC SAOR.

[TD 181]

[Vol. 6. No. 23. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh duin òg a mhuinntir ceann beighe Hogamah a thoirt gu cùirt o chionn ghoirid air son goid chaorach, agus fhuair e da bhliadhna dhe'n tigh-obrach.

Tha deigh air amhuinn <eng>St. John<gai> ann an <eng>New Brunswick,<gai> ged nach do chuir sinne an so eòlas air deigh am bliadhna fhathast. Ged nach eil an t-side air an eilean so idir cho math 'sa dh' iarradh daoine, tha i air toiseach air an t-side thatar a' mealtuinn ann an àiteachan eile.

Tha dithis dhaoine Fletcher agus Mac-an-t-Saoir ri bhi air am feuchainn an ùine ghoirid air son teine chur ri baile Windsor. Cha 'n eil teagamh sam bith nach eil iad le cheile ciontach. Tha a' chùirt ri bhi ann an <eng>Kentville<gai>; tha eagal air na breitheamhan nach gabhadh <eng>jury<gai> fhaotainn ann an Windsor a bheireadh ceartas dhaibh.

Thainig meall mor truisg faisg air cladach <eng>New Jersey<gai> toiseach na seachdain s'a chaidh, agus ghlac na h-iasgairean na miltean dhiubh. Cha robh cairt, carbad, no inneal cuidhleach eile anns an àite nach robh gu trang a' giulan an éisg air falbh gu margadh fad dha no trì 'lathaichean. Cha robh an t-iasg cho pailt 's an stàit ud o chionn dheich bliadhna fichead.

Tha boirionnach d' an ainm Mrs. Edward Taylor a fuireach ann an Afton, an siorrachd Antigonish, a bha ceud bliadhna dh'aois air a cheathramh latha deug de Nobhember. Rugadh i ann an siorrachd Ghuysboro; tha a fradharc 's a cuimhne gu math, agus tha i slàn, fallain. Chaidh mu leth-cheud de 'sliochd, clann, oghaichean us iar-oghaichean, 'ga coimhead an latha chuir i crìoch air na ceud bliadhna.

Bha Mr. Iain H. Wylie, á Toronto, anns a' bhaile air an t-seachdain

romh 'n t-seachdain s'a chaidh, os leth a' Chanadian Magazine. Is Gall Albannachd Mr. Wylie a thaobh 'athar, ach bu bhana-Ghàidheal a mhàthair, agus dh' ionnsaich i a' Ghàilig do gach aon de 'cloinn, agus an diugh, ged a tha iad a' giùlan ainm Gallda, is Gàidheil g' an cùl iad. Chithear le sealltuinn air ainmean na feadhach a phàigh gu bheil Mr. Wylie a' gabhail MHIC-TALLA.

Bhatar a taghadh fir-pàrlamaid ann an Toronto, Di-màirt s'a chaidh. Bha dithis a ruith, <eng>G. H. Bertram, Liberal,<gai> agus <eng>O. H. Howland, Conservative.<gai> B' àbhaist an lamh an uachdar a bhi aig na <eng>Conservatives<gai> anns a bhaile sin, ach aig taghadh Iun, 1896, fhuair <eng>Liberal<gai> a stigh. Thachair an ni ceudna air an turus so; bha Bertram air a thaghadh le 252 bhòt a bharrachd air an fheur eile. Tha e coltach gu bheil latha nan <eng>Liberals<gai> air tighinn; tha iad a faotainn buaidh anns gach àite.

Bha oidhche Di-màirt s'a chaidh air a cumail mar oidhche Fheill Andrais air feadh gach cearna de 'n t-saoghal anns am bheil Albannaich, Gaidheil 'us Goill, a' còmhnuidh, anns a bhaile so cho math ris gach àit eile. Bha dinnear aig buill a' Chomunn Chaledòineach ann an Tigh-òsda Shidni; shuidh eadar deich ar fhichead us da fhichead aig bòrd, agus chuireadh an oidhche seachad gu cridheil, sunndach. Fhuair eadh air fhiosan o chomunnan eile a bha 'cumail na féille air an dòigh cheudna; am measg chàch bha fios ann an Gàilig bho Chomunn Fhéill Andrais am baile-mor Hamilton, an Ontario. Bha na deochan slàinte àbhaisteach air an òl, agus òraidean air an liubhairt 's òrain Bheurla 's Ghàilig air an seinn, a chuir an ùine seachad gu luath, 'sa chuir aoidh is fonn air gach neach a bha làthair. Tha sinn duilich nach eil an Comunn Caledòineach na 's beòthaile na tha e, ach 's math leinn e bhi cho beò 's gu bheil e gu riaghailteach a' cumail latha Naoimh Andrais.

Tha da cheud us coig air fhichead anns an tigh-obrach an Dorchester aig an àm so, an àireamh a's motha bh' ann aig an aon àm riamh. Is firionnaich iad uile ach seachdnar.

Tha a' ghriùthrach gle dhona timchioll air na Narrows Mhora. Ann an astar seachd mìle cha 'n eil aon tigh gun duine na laidhe tinn, agus tha na sgoilean uile air an dùnadh. Chaochail aon neach, Iseabail Chaimbeul, nighean Dhomhnuill Chaimbeul, bliadhn' air fhichead a dh' aois.

Tha duine ann am Boston, Caiptean Uilleam Anderson, a' cur roimhe a dhol tarsuinn air a chuan Atlantach ann am bàta beag ceithir troighean deug gu leth a dh' fhad. Tha e 'dol a dh' fhalbh air a' cheathramh latha de dh' Iulaidh s'a tighinn. Chaidh e null 'sa nall ann am bàta beag uair us uair roimhe so, ach faodaidh gu 'm feuch e ris tuilleadh us tric.

Chaidh triùir dhaoine a mharbhadh ann am mèinn òir mu dha fhichead mìle mach a Halifacs Di-haoine s'a chaidh, Donnachadh Mac Phail, Hennesey agus Mac Isaic. 'Se dh' aobharaich am bàs goileadair a spraidh orra. Bhuineadh Hennesey agus Mac Isaic do Thruro. Bha Mac

Phàil a mhuinntir Orangedale, air an eilean so. Bha e ri mèinneadaireachd o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean.

Chaidh mort gràineil [?] a dheanamh ann an Cuibeic, ann an àite [?]n canar <eng>St. Canute.<gai> Chaidh duine measail [?] b' ainm Poirier a chur a dhith le a mhnaoi [?] agus duine eile bha deanamh suas rithe. [?]r iad sgòrnan an duine bhochd le ràsar. An deigh an cur an greim dh' aidich iad an cionta. Rinneadh an gnìomh oillteil so air oidhche Di-satharna no maduinn na Sàbaid, air an t-seachdain s' a chaidh.

Chuala sinn uile mu André, a dh' fhalbh ann am <eng>baloon<gai> gus a dhol gu ruige ceann a tuath an t-saoghail. Mar a bha gach duine ach e-fhéin a' cur air mhanadh dha, cha 'n fhacas "a dhubh no a dhath" riamh o'n dh' fhalbh e, agus thatar a nise smaoineachadh gu 'm bu choir a dhol ga shireadh. Tha luchd-riaghlaidh <eng>Norway<gai> agus na Suainne ag ullachadh air son daoine chur a mach d' an àirde tuath feuch am faigh iad forthais air. Ach tha sinn an dòchas nach ann am <eng>balloon<gai> a dh' fhalbhas iad.

Iadsan a Phaigh.

Iain Mac 'Ille-mhaoil, meinn a Tuath.

Micheil Mac Neill, cùl a Phòin Mhoir.

Iain Mac Ille-mhaoil, an Acarsaid Mhor.

Domhnull D. Mac Leoid, <eng>Framboise.<gai>

\$2.00

Domhnull Mac Gilleain mèinn Chaledonia.

\$2.00

Murchadh Mac-a-Ghobha, Sidni.

H. C. Mac Aoidh, <eng>Malagawatch.<gai>

T. C. Mac-an-Tòisich, <eng>Malagawatch.<gai>

Iain Mac-a-Bhiocair, <eng>Catalone.<gai>

Coinneach Mac-an-Tòisich, am Beighe 'n Iar.

Seonaid Ros, cùl Beighe Bhaddeck.

Ailein Mac-a-Bhiocair, <eng>Port Morien.<gai>

A. I. Mac Gill-fhaollain, <eng>B. C. Chapel.<gai>

Niall A. Mac Gill-fhaollain, <eng>B. C. Chapel.<gai>

\$2.00

D. I. Domhnullach, <eng>Bridgeport.<gai>

2.25

N. D. Mac-a-Phi, <eng>Mabou<gai> Bheag.

50c

Aonghas Mac Aonghais, <eng>Lewis Bay.<gai>

25c

Calum Mac Aoidh, Sidni.

25c

Màiri Nic-an-t-Saoir, <eng>Shenacadie.<gai>

25c

Iain H. <eng>Wylie, Toronto, Ont.<gai>

Gilleasbuig Camaran, <eng>Victoria, B. C.<gai>

Domhnull Mac Coinnich, <eng>Orwell Cove,<gai> E. P. I.

Alasdair Mac Mhuirich, Arrochar, N. W. T.

\$4.00

Fionnladh Mac-an-Tòisich, Arrochar, N. W. T.
Aonghas Mac Fhearghais, <eng>Newark, N. J.<gai>

\$3.00

Caiphtean Eben Mac Amhlaidh, <eng>Gloucester, Mass.<gai>
Seumas Mac Neill, Bualà-nam-bodach, Barraidh.
Domhnall Rothach, <eng>Reynoldstown, New Zealand.<gai>
Niall Buchanan, <eng> Reynoldstown New Zealand.<gai>
Iain Mac Gilleain, <eng>Auckland, New Zealand.<gai>
Alasdair Mac Rath, <eng>Reefton, New Zealand.<gai>

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai>

Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35

Orain Iain Luim,

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher<gai> "Mac-Talla,"
<eng>Sydney, C. B.<gai>

[TD 182]

[Vol. 6. No. 23. p. 6]

Seana Chleachdaidhean Gaidhealach.

LE IAIN MAC 'ILLEATHAIN.

(Air a leantuinn.)

Dh' iarr fear-an-taighe air Peigi Dhonnachaidh òran a sheinn dhaibh, agus gun pliodaireachd sam bith, le guth binn sheinn i, "Muile nam Mòr-bheann." An deigh do Pheigi bhi réidh, thionndaidh fear-an-taighe ri gill' òg a bha 'na shuidhe faisg air, "Cha chuala mi diog as do cheann an nochd, a Chalum, an urrainn duit innseadh dhomh gu de tha 'cruinn, craicionnach, cruaidh, 's is cruaidh craicionn a làmh, dh' fhòil am meadhon a chléibh, 's a shuil am meadhon a chnàmh?" Thachais Calum a cheann, "A dh' innseadh na firinn 's e sin a' cheisd a 's cruaidhe a chaidh orm o chionn miosa." "Shaoilinn gu 'm bitheadh iasgair gle eòlach air, co-dhiu." "Cha 'n aithne dhomhsa rud eile a tha 'cruinn craicionnach cruaidh,' ach partan." "'S e sin e Chalum!" Chaidh an oidhche seachad mar sin, gu cridheil, sunndach, le bhi 'g innseadh sheanachasan spòrsail, 'us òrain math Gàilig, aig fear mu seach, gus an robh an t-suipeir gu bhi deas, agus 'n uair a bha bean an taighe a toirt na poite bhar an teine dh' eirich da ghille òg agus theann iad ri falbh. "Tha cabhag oirbh 'illeann!" thuirt fear-an-taighe, "o 'n a dh' fhan sibh cho fada, faodaidh sibh fuireach gus am faigh sibh 'ur suipeir?" "Tha sinn 'nar comain, ach feumaidh sinn a bhi 'tarruing, tha againn ri eiridh trath;" fhreagair an gille dubh. "Na bithibh g' an cumail, Iain!" chuir a stigh Calum Ruadh, "bithidh na h-ighinnean ag gabhail fadail." Cha d' fhan na gilleann ris a' chòrr, le aon leum bha iad a mach air an dorus, 'us rinn na bha anns an tigh sràcan mòr gàire. "Is ann orra bha 'chabhag, gu dearbh," thuirt fear-an-taighe, "c'ait a' bheil na seoid a dol?" "Tha iad a dol a shuiridh air nighinnean Eachainn Duibh," fhreagair Calum Ruadh. "Bha mi 'g eisdeachd ris a' chonaltradh a bh' eatorra fad na h-oidhche." "Ma gheibh Eachann Dubh greim orra, bithidh cuimhne ac' air an oidhche nochd gu cionn ghreis," arsa Alasdair Mòr. "An latha roimhe mhaoidh e 'nam lathair-fhein, am fear a gheibheadh esan greim air timchioll an taighe, gu 'n tumadh e ann an lùb 'an dùnain e." "Cha 'n eagal daibh," thuirt Iain Dubh; "bithidh Eachann 'n a laidhe fada mu 'n ruig iad, agus 'n uair a chaidleas Eachann cha duiogeadh e ged a bhiodh e a tobhadh an deigh a 'Chlaymhòr.'" Dhoirt bean-an-taighe a mach a chabhruich, 'us chuir i air fuarachadh air bòrd aig an dorus i. "Cum do shuil air a chabhruich, a Sheonaid!" thuirt Alasdair, "neo faodaidh gu'n tachair

dhuitse mar a thachair do Mhàiri ni'n Néill air an t-seachdain so chaidh." Thionndaidh bean-an-taighe ri Alasdair, agus a leigeil a taic ris a' bhord, dh' fhaighnich i—"Gu de thachair dh' ise Alasdair, cha chuala mi diog ioma?" "O, thainig na sithichean 'us ghoid iad leotha 'chabhruich do 'n chnoc." "A nis sguir de d' spliadhraich, cha do ghoid na sithichean coire a' chabhruich riamh." "'S e sin na tha agaibh air; eisdibh riumsa agus chi sibh mur do ghoid. Oidhche air an t-seachdain so chaidh, bha mi air cheilidh ann an tigh a' bhàird; bha Iain Mac Coinnich, an taillear, an sin a deanamh aodaich do Iain 's do 'athair, 's bha an tigh làn de mhuinntir a' bhaile. Bha Iain 's a ghille 'n an suidhe anns an leaba, trang a fuagal, cha robh ach aon chrùisgean laiste, agus bha e 'n a chrochadh air sreang eadar na taillearan, agus leis a sin bha 'n cuid eile de 'n tigh gu math dorcha. Chaidh an oidhche seachad gu cridheil, sunndach, dìreach mar a chuir sinn seachad an nochd i, gus an robh an t-suipeir deas, agus chuir Màiri ni'n Néill cuach mhor lan cabhruich air fuarachadh air bord a bh' aig an dorus, dìreach mar a th' agaibh-fhein an sin. Bha mi fhein 'nam shuidhe le 'm ch[?]haobh ris an dresser, ag eisdeachd 's a fa[?]n na bha dol air aghaidh. Cha robh [?]abhruich gann mionaid air a' bhord, 'n [?] a thainig da ghille òg, gun rabhadh sam bith, 'us sheas iad 's an dorus; sheall iad mu 'n cuairt an taighe fiach an robh duine 'g am feitheamh. Cha do leig mi orm dad, ach gu 'n robh mi 'g eisdeachd gu dluth ris an t-seanachas a bh' aig an taillear; ach chum mi geura-shuil orra air a shon sin. Chuir am fear bu mhotha dhiubh cagair ann an cluais an fhir eile agus thog iad leotha 'chabhruich. Chlisg mi nis, ach ged bhitheadh mo bheatha ris, cha b' urrainn dhomh facal a radh. Ann an tiota bheag sheall mi mu 'n cuairt agus sid bha chuach air a' bhord, falamh, agus bha na seoid a toirt an casan as a mach an doruis. Dh' aithnich mi nis co bha agam, agus cha d' thubhairt mi diog. Ann an uine ghoirid thainig Màiri a chur a mach na suipeireach, agus an uair a chunnaic i gu 'n robh a' chabhruich air falbh thug i an glaodh ud aisde; leum a h-uile duine a bha stigh, dh' eirich Iain agus thainig e 'nall, 'Gu de tha cearr ort, a Mhàiri?' thubhairt e. 'Tha na sithichean an deigh a chabhruich a ghoid.' Sheall am bard gu dùr air an t-soitheach fhalamh, 'us a sin thubhairt e, 'Is e mo mhor bheachd gu bheil so na's coltaiche ri obair saoghalta na ri rud sam bith eile,' agus ghabh e mach air an dorus a shealltain airson nam mearlach; an ceann deich mionaidean thainig e a stigh. 'Cha 'n eil duine ri fhaicinn shuas no shios, agus o 'n a tha 'chabhruich air falbh, is fhearr dhuit a Mhairi, buntàta a chuir air.' Bha Mairi trang a nigheadh a' bhuntata, agus chunnaic mi gu 'n robh an nighean choir air a narachadh, an uair a chuala mi puthail ghairreachdaich air mo chulthaobh, sheall mi mu 'n cuairt, agus an sid bha na sithichean (Domhnull Mac 'Illeasbuig, agus Ian Mac Coinnich) an deigh a chabhruich a chur air ais anns an t-soitheach; mu 'm b' urrainn dhomh gluasad chunnaic Iain iad agus thug e an ràn ud as,—'A sheoid ma gheibh mise greim oirbh!' 'us a mach a ghabh e as an deigh, ach mu 'n d' fhuair e 'dh' ionnsuidh an doruis bha na seoid sios a' mhachaire, agus chuala sinn iad ag gaireachdaich 's an tigh." "Cha toir sinne cead do na sithichean a' chabhruich againne 'ghoid," arsa Seonaid, "is beag gu leoir dhuinn fhin e; suidhibh a stigh!" Gun tuilleadh cuireidh thòisich an t-suipeir mhath chabhruich. An deigh na suipearach sgaoil a'

chuideachd, a fagail beannachd aig fear-an-paighe, aig bean-an-taighe, agus aig a' cheile. Thaghal Domhnull 's an dol seachad air bean Alasdair Mhòir, mar a gheall e, ach cha d' fhan e fada o'n a bha 'n rathad cho fada a bh' aige ri dol.

Tha mi 'creidsinn gu 'm bheil a chuid a 's motha de mhuinntir na céildh so glé eòlach air na sean ràdhan mu 'n aimsir, ach tha mi cinnteach nach misd iad mise a thoirt sgrìob tharuis air aon no dha dhiu an nochd. Bha na seana Ghaidheil ag radh, "Is samhradh gach geamhradh gu Nollaig, ach cha 'n Earrach e gu Féill Pàdrùig," agus a rithist—"Is Foghar e gu Nollaig, Geamhradh gu Féill Pàdrùig, Earrach gu Féill Peadair, agus samhradh gu Féill-Mhicheil." Bha iad ag creidsinn gu 'n tigeadh an nathair às an toll air latha Fhéill-Brighde, ged nach robh troidh de 'n t-senach air a bhàr, agus tha an rann so againn mar dhearbhadh air sin;—

"Latha Fhéill-Brighde brisgeanach,
Thig an ceann de 'n chaiteanach;
Thig nighean Iomhair às an toll,
Le fonn feadalaich."

Cha 'n fhios domhsa cia mar a fhuair an nathair an t-ainm, nighean Iomhair, agus bithidh mi ann an comain duine sam bith a's urrainn innseadh dhomh cia mar a fhuair i ainm cho iongantach. So agaibh rann eile, mu 'n nathair anns am bheil an t-ainm ciadna a tighinn a stigh:—

"Air lath' Fhéill-Brighde thig ni'n Iomhair as an toll;
Cha bhi mise ri ni'n Iomhair,
'Us cha bhi ni'n Iomhair rium"—

agus bha iad 's a bheachd 'n uair a dh'aithriseadh iad an rann sin, air maduinn lath' Fhéill-Brighde gu 'n robh e 'g an dìon o lot na nathrach fad na bliadhna tuillidh; cha robh ann an so ach cleachdadh aig na Tirisdeich, oir cha 'n eil nathair ann an Tìreadh, na 's mo na tha i ann an I. Air maduinn lath' Fhéill-Pàdrùig, ma 's fìor an sgeul, bha buidseach mhòr, ainmeil, a' Chailleach Bhearr, mu 'm blaiseadh an t-eun an t-uisge, ag eiridh air an talamh le 'slacan draoigheachd a chumail an fheoir o chinntinn, agus 'nuair a chitheadh i nach rachadh aice air, bha i a tilgeadh air falbh a slacan draoigheachd, agus le sgread oillteil a teicheadh as an t-sealladh. Air maduinn Di-Donaich Càisg bha cloinn bheag an eilean ag éiridh mu'n éireadh a ghrian, agus a dìreadh gu mullach cnoic àird as am faiceadh iad a chiad sealladh air eirigh na

[TD 183]

[Vol. 6. No. 23. p. 7]

greine, chionn bha iad ag creidsinn gu 'n robh a' ghrian a taisbeanadh a gairdeachais airson 's gu 'n d' eirich Criosd bho na marbhaibh air an latha so, agus gu 'n robh i a leum a mach as na neoil, 's a toirt spraigheadh aisde mar gu 'm bitheadh urchair á

gunna, agus gu 'n robh i a dol mu 'n cuairt mar gu 'm bitheadh i a dannsadh le sòlas, agus rothan de na h-uile seorsa dath mu 'u cuairt oirre.

Latha de na laithean thainig Alasdair Màr a stigh do 'n tigh aige-fhein, agus thubhairt e ri Peigi, a bhean, "Chuala mi 'n diugh, gu 'm bheil Seumas Garbh ri dol air beulthaobh a' bhàillidh air Dior-daoin so tighinn air son an airgiod a ghoid e bho Chailleach Eachainn Ruaidh." Is fhada bho 'n bu chòir dhaibh a chuir 'an laimh, tha e 'cur iongantais mor orm cia mar a leig iad leis cho fada," arsa Peigi. "Tha mi cearta cinnteach gu 'n do ghoid e airgiod na caillich bochd, 's ioma té eile na 'n robh e air fhaotainn a mach." "'S e sin mo bharaill fhein," fhreagair Alasdair, 's e 'togail cnap bhuntàta bhar na loisgid, 's ga phlùchadh 'n a laimh; "cha chuirinn olc sam bith seachad air a' cheart dhuine. Ma chuireas iad air falbh as an dùthaich e, is e thoileas e." Mar a thubhairt, b' fhior, air latha a mhòid, thug an t-seana bhean seachad a fianuis cho soilleir, pongail, 's a dh' aindeoin gu de b' urrainn Seumas Garbh a dheanadh, agus dh' fheuch e air a h-uile rathad a b' aithne dha g'a cuir air iomrall, bha an aon sgeul aice air gach àm. Ma dheireadh thionndaidh am bàillidh ris, "So, so, a dhuine aingidh, tha sin gu leoir de d' bhruidhinn; 's ann a bu choir dhuit naire a bhi ort. Eisd a nis riumsa, paighidh tu air ais do 'n t-seana bhoirionnach so a h-uile sgillin a bhuineas di, agus air Di-dònaich so tighinn bithidh tu air do chuir anns a' bhrangais anns an eaglais mar bhail-sampuill do dhaoine agus air dorus na h-eaglais, an tigh-sgoil, a' mhuilinn, 's a' cheardaich, bithidh an eucoir a rinn thu air a' bhoirionnach bhochd so air a chur a mach; agus a thuilleadh air sin bithidh tu air do chur as a' chroit agus faodaidh tu falbh taobh sam bith a thogras tu." Air an ath Dhi-dònaich bha 'bhinn a thug am bàillidh air a coimhlionadh; chuireadh Seumas Garbh 'na sheasamh anns a' bhallan air taobh a stigh doruis na h-eaglais; a dha laimh ceangailte air a' chulthaobh, agus am brangas air a cheangal mu amhaich. Fad na searmoin bha e air a chumail na sheasamh a sin, ann an làthair a' choimhthionail. An deigh an latha sin, dh' atharraich e a chleachduinnean, phàigh e do 'n chaillich an t-airgiod a chum e bh' uaipe; agus chaochail e le meas aig gach aon air.

(Ri leantuinn.)

Ma chluinneas tu neach nach eil a gabhail MHIC-TALLA ag radh gu bheil e anabarrach càirdeil do 'n Ghàilig na creid e idir. 'Nam biodh deagh dhùrachd aige do 'n Ghàilig, bhiodh e 'gabhail MHIC-TALLA.

Litir a Allt' nam Breac

FHIR DEASACHAIDH IONMHUINN:—Chunnaic mi o chionn fhada, fhada gu'n robh thu a toirt cuireadh do chairdean na Gailig fios a chur ugad an drasda 'sa rithist, agus 's ann a smaoinich mi, ged nach eil barail mhor agam orm fhein no air mo chomas sgriobhaidh, gu 'n cuirinn deuchainn ort le litir o m' phean fhein, ged nach sgriobh mi a'

Ghailig cho math 's bu mhath leam. Cha 'n eil fhios agam co-dhiu a chordas m' oidhirp riut fhein no ri do leughadairean, ach mur cord e riut fhein, cuir fios ugam, agus ma mhi-chordas e riuthasan deanadh iad an ni ceudna, agus mo lamh-sa dhut nach cluinnean an corr uam. Mar a thuirt am fear roimhe, "bidh glas guib orm am feasda tuilleadh."

Gabhaidh sibh mo lethsgheul air an àm so ma bhitheas mo litir car mi ordail, oir tha mi fuathasach dona leis an deideadh. Is e an anshocair a dh' fhagas duine anabarrach crosta. Thuirt duin [?]m, "'S fada do thinneas bho d' chridh[?] ach 's e bha 'm mearachd. Cha d' th[?] Raibert <eng>Burns<gai> droch ainm air idir 'nuair a thuirt e gu'm b' e "donnas gach tinneis."

Cha 'n eil facal de 'n MHAC-TALLA a's cùramaiche a tha mi leughadh na ainmean na muinntir a phaigh. Ged nach eil aireamh na muinntir a tha gabhail a MHIC-TALLA cho mor 's bu chòir dhi bhith, tha cuid 'ga ghabhail as gach cearn de 'n t-saoghal.

Bha a bhliadhna so ro thorach 'nar measg. Tha biadh duine agus ainmhidh ann am pailteas aig gach tuathanach. Tha buntata ann am pailteas aig roinn mhor; fhuair sinn iomradh o chionn beagan sheachduinnean air duine a thog tri fichead buiseal dhe'n da bhuisseal a chuir e. Tha sùrd air gach tuathanach a nise a deanamh treabhadh na samhna.

Am faca sibh idir, no 'h cuala sibh gu de a thachair do "Bhodachan-a'-Ghàraidh;" cha chuala sinn uaithe o chionn ùine mhor. Bu mhath leam fhaighinn a mach am bheil e "cho frogadach 's a bha e riamh." Am bheil forthais agad fhein air, fhir mo chridhe? Ma tha cuir fios 'am ionnsuidh anns a MHAC-TALLA.

Slan leat, 's le gach uile neach de luchd-leughaidh a MHIC-TALLA. Is mi do charaid an latha 'chi 's nach fhaic.

DOMHNALL DUBH.
18, 11, '97

Tha Aonghas Mac Fhearghais a' sgrìobhadh á <eng>Newark, New Jersey,<gai> mar a leanas: "Tha leòm mhor orm a chionn gur h-ann 'nam dhùthaich fhéin, Ceap Breatunn, a tha 'nam phaipear Gàilig a th' air an t-saoghal air a chlo-bhualadh; agus tha mi 'n dochas gu 'n cum e a cheann an àirde re iomadh bliadhna 's linn."

Tha àireamh mhath a' cur a dh' iarraidh MHIC-TALLA as ùr aig an àm so, agus bu mhath leinn gu 'n leanadh iad mar sin. Bu chòir do gach Gàidheal aig am bheil gnè sam bith de bhàigh ri chainnt fhein a bhi 'gabhail a' phaipear Ghailig.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche

Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean 's na tubaichean
cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus
mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 184]

[Vol. 6. No. 23. p. 8]

Leomag.

(Air a leantuinn.)

Fhuair e brat air son an urlair;

Agus uidheam buird d' a reir;
'S dh' fhalbh e 'n sin le mor dhurachd,
Gus a run a chur an ceill.

Rainig 's chunnaic e an og-bhean,
'S thubhairt e an comhradh fann.-
"Bu mhise am fear sona, soghach,
Na 'n tigeadh Miss Leomag an ghleann."

Fhreagair i le seorsa gaire,
'S an t-ardan a' cluich 'n a beul,-
"'S cuimhne leam do chailleach mathar,
'S thusa 'n ad gharlach 'n a deigh.

"Tha thu gun urram gun chairdean;
'S graisg a tha annaibh gu leir;
Chaill thu do thuisge 's do naire,
A bhalaich is ro dhàine beus.

"Fuich, fuich, ach am fàileadh
'Tha gu laidir 'tighinn am shroin!
Gabh romhad, a bhumaileir ghrainde,
'S odhar le tearr do dha chròg!"

Chunnaic Fionnladh, a's e 'clisgeadh,
An nathair shligneach 's an fheur,
A's sud e a mach an tiota,
Mar gu 'm biodh an t-Olc 'n a dheigh!

Thubhairt e s e suas am fireach,-
"'S ann domh is mithich a bhi saor;
Ach fhuair mi mo chas as an ribe,
'S dh'fhalbh am bior a bha am thaobh.

"Tha mi nise sunndach, laidir-
Cheart cho slàn 's a bhi mi riabh;
'S leumaidh mi cho aotrom mheanmach,
Ri boc-earb a th' air an t-sliabh.

"Bheir mi air Leomag mo bheannachd,
A dh' aisig dhomh mo neart cho luath;
Leighis i chreuchd le tri facail,
A dh' fhairtlich air an Dotair Ruadh."

Bha Fionnlaidh gun dith, gun dolaidh,
'N a dhuine sona anns a' ghleann;
Fhuair e bean 'bha ciallach, gleidhteach,
'S bu ghlan 'n am beus i fein 's a' chlann.

Cha robh spiocaireachd no gorta
'N taobh a stigh d' a dhorsaibh fial;
Bheireadh e aoidheachd do 'n choigreach,
'S gheobhadh am bochd ann a dhiòl.

Saoil sibh fein nach b' i an tubaist
'Dhiult gu tur an duine coir,
A bheireadh dhi gun dith, gun dearmad,
Im a's aran agus feoil?

Mar a theid an sgeul am mearachd,
'S fad o 'n ghabh a claigionn gaoth;
'S is tric i an toir air faileas,
Nach fhaigh i 'n a glaic a chaoidh.

Tha a suil ri nithe mora,
'S duilich dhomhsa chur an cainnt,-
Saibhreas, a's urram, a's soghachd,
'Dol m' an cuairt mar cheo 'n a ceann.

'S ann mar sin tha inntinn Leomaig,
Lionta le goralas ro fhaoin,
Eich, a's carbadan, a's caisteil,
'S brataichean a' snamh's a ghaoith.

Air sgiath aotrom a mac-meamna
Siubhlaidh i Albainn gu leir.
'S a h-uile ceann a chi i ruisgte,-
Tha sud mar umhlachd dhi fein.

Ach chaochail a nis na laithean;
Thuit na caisteil ard a nuas;
Threig a neart, a's dh' falbh a h-àille,
'S tha sruth an ardain air fas fuar.

Ann am measg nan armunn oga
Cha 'n olar a nis air a slaint';
Cha 'n 'eil iomradh air a bòidhchead,
'S cha 'n fheoraichear mu 'h-aite-taimh

Tha a maise air a treigsinn;
Shearg, as a h-aodann, an ròs;
Tha 'h-amhach feadanach, féitheach,
'S a smig air eirigh r' a sroin.

Tha ghnuis, a bha roimhe tlachdmhor,
Air fas claiseach leis an aois,
Mar bhalg craicinn tioram, preasach,
Bho 'm fada a theich a' ghaoth.

Tuille cha tig neach 'g a h-iarraidh,
Oir dh' fhalbh gach ciatadh a bha ann;
'S i 'n a briogaid bhochd air liathadh,
Gun urad a's fiacail 'na ceann.

(Rinneadh an Duan so leis an Urramach nach maireann, Mr. Eachann Mac
'Illeathain, Loch-aillse. Bha e air a chlo-bhualadh 'sa Ghaidheal
'sa bhliadhna 1874.)

Moladh na Gaidhlig.

Hò-ro, 'illean, hù-o 'illean,
Hò-ro, 'illean, gum-bu slan duibh,
Na'n robh tuille dhibh '[?] dùthaich,
Cha do mhùch iad oi[?] a' Ghàidhlig.

Tha iad fearail, fallain, [?]asgailt',
Cha 'n 'eil gruaman air na h-àrmuinn,
'Siad gun dearbhadh gaisge 's cruadal
'N am bhi tarruing suas sna bláraibh.

O'n là dh'fhàg i gàradh Eden
Chaidh a steidheachadh 's gach àite,
Bha i ac an tìr na h-Eiphit-
'S i bh'aig treubhan tìr Chanàin.

Gun robh Laideann, Eabhra 's Gréigeis,
'Ruith na déigh 's ga cur a h-àite,
Ach bha is' air ceann na réise
Gus an d'thàin' a Bheurla ghrànnda.

Ged tha phiob gun sgoil gun ionn'sach'-
Maidean tollach agus màla,
Ma sheideas tu a stigh gu pongail
Labhraidh i le fonn a' Ghàidhlig.

Ged bhiodh fiodhall 'ri ghleusadh
Le ciud theudan as an àite,
Seadh 's am bogha fein gun chéir air
Bruidh'nidh i gu reidh a' Ghàidhlig.

'Sionnan leamsa Gàidhlig 's Beurla.
Bhi 'gan éisdeachd no 'gan ràdhtuinn,
Ach 'nuair theannas uair na h-ùrnuigh
Ni mi dlùth'chadh ris a' Ghàidhlig

Tha mi fhògrach an Dun-odhainn-
'S cha'n ann toillichte a tha mi,
'G ionndrainn seadh is brìgh nam briathran
Bha 'o shiorruidheachd 'sa' Ghàidhlig.

'S duilich leam-sa bhi 'ga innseadh-
Ged 's i 'n fhìrinn tha mi 'g ràdhtuinn.
Thug iad gaol do bhriathran faoine,
Agus thilg gu taobh a' Ghàidhlig.

Ach théid sinne 'n guaillibh chéile
Chuin a' Bheurla 'chur fo'r sàiltean,
Glanaidh sinn i mach a'r dùthaich-
'S théid an crùn chur air a' Ghàidhlig!

AN DA LEIGHEAS

AGUS <eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Tailliar.

SIDNI - - - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>

Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

[TD 185]

[Vol. 6. No. 24. p. 1]

MAC-TALLA.

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 10 DESEMBER, 1897. No. 24.

Rannan Misnichidh.

LE IAIN CAIMBEUL, NACH MAIREANN, BARD NA LEIDEIGE.

A mhuinntir mo ghaoil,
Coithichibh, coithichibh!
A mhuinntir mo ghaoil,
Cumaibh a suas.
Ged bhios sibh 'g ur sàrach',
'S an-dòchas 'g ur bàthadh,
Na géillibh gu bràth dha,
A's gheibh sibh a' bhuaidh.

Ged bhios an saoghal
'G ad thionndadh 's 'g ad aomadh,
'S tu bitheanta 'saoilsinn
Gu 'm feum thu 'bhi nuas;
Na cuireadh sud sgàth ort,
Do 'n smuain thoir a' bhàirlinn,
A's seas a's bi làidir,
A's gheibh thu a' bhuaidh.

Ma 's cùram an t-saoghail,
No eagal roimh dhaoine,
No smuaintean air faoineis,
A chuir thu fo ghruaim;
Bi fearail, bi stuama,
A's seas ris a chruadal,
'S bheir Freasdal m' an cuairt e,
Gu'm faigh thu a' bhuaidh.

Biodh onair a's ceartas
A' cumail do neart riut;
A's dòchas neo-mheata
'S an làimh a ta shuas;
Le creideamh neo-sgàthach
'N a fhocal nach fàilnich-
A's bheir E gach là thu
Troimh 'n fhàsach le buaidh.

Litir a <eng>New Zealand.<gai>

A GHÀIDHEIL URRAMAICH:—Tha mi an dochas nach lughdaich an litir so uamsa do threimhdhireas do d' luchd-duthcha. Tha mi an dochas mar an ceudna gu 'm bi i na meadhon, le bhi air a cur fa chomhair luchd-leughaidh do phaipeir eireachdail, air clann nan Gaidheal anns gach cearna dhe 'n t-saoghal a tharruinn dlùth do cheile, cha'n ann a mhain air son cuideachadh do MHAC-TALLA, ach air son cainnt am mathar a chumail ann an cleachdadh-rud, tha mi duilich a radh, nach eil sinn mar Ghaidheil a deanamh mar bu chòir dhuinn.

'S cinnteach mi gur a math leat fhéin agus le mo chàirdean Gàidhealach ann an Canada a chluinntin gu bheil a nis ceithir Comuinn Gaidhealach air an cur air chois anns an dùthaich so. Tha am fear a's sine dhiù ann an Duneideann; tha dha eile dhiubh mu cheud

mile bho 'n àite so, agus an ceithreamh fear dhiubh ann an Napier, faisg air Auckland. Mar sin chi sibh gu bheil na Gaidheil a tha anns an dùthaich so a dùsgadh a chum a bhi faicinn gur h-ìomchuidh 's gur nàdurra an ni dhoibh a bhi cur an guailibh ri chéile air son an cainnt mhàthrail a chumail ann an cleachdadh.

Tha mi a' dùnadh [?] an litir so ochd tasdain deug agus [?] sgillin (18s, 9d) mar phaigheadh air [?] MAC-TALLA uam fein agus bho Nia [?] agus bho fhear-dùthcha dhu [?] ainm Iain MacIlleathain. D [?] MacIlleathain do Cheap Breatunn [?] e <eng>St. Ann's<gai> 'sa bhliadhna 1859 [?]amh a dhachaidh ann am [?]. 'Se fìor Ghaidheal a th' [?]thaineach so, mac-samhuilt do [?] ann an Rudha Mharsden.

A nis bidh mi a [?] mo litreach le bhi a' guidhe Noll [?] agus Bliadhn' Ur chridheil dhut fh [?] luchd-leughaidh MHIC-TALLA, 's gu [?] buaidh agus piseach orrasan [?] 's a cleachdadh na G [?]se, le deagh rùn, do charaid dileas,

DOMHNULL ROTHACH.

<eng>Reynoldstown, N. Z.<gai>

Litir a Lunnainn.

FHIR-DEASACHAIDH,—Tha mi fìor thoilichte gu bheil MAC-TALLA a nis ga 'm ruigsinn ni 's riaghaltaiche na bha e mìos no dha air ais. Air uairibh bhithinn trì no ceithir seachdainean gun sgeula sam bith fhaighinn air mo charaid, agus an sin thigeadh dha no trì àireamhan comhla. Tha mi 'deanamh dheth gur ann aig luchd a phuist a bha a choire agus mar is coltach gu 'm feum mi a "bhi 'giùlan 's a' gearan." Ach is ann a tha mi ro dhiombach nuair a theid am paipeir air chall buileach, mar thachair do àireamh coig. Tha e na chleachdadh agam gach bliadhna de 'n MHAC-TALLA a cheangal comhla na leabhar (agus is eireachdail an leabhar e) agus cha toigh leam àireamh sam bith a bhi a dhith orm. Air an aobhar sin bithidh mi fada 'nur comain, fhir-deasachaidh, ma 's urrainn duibh am fear a dh' ainmich mi a chur thugam.

Bha Comh-sheinn mhor aig Comunn na Gàidhlig o chionn ghoirid aig an do sheinn an seinneadair binn sin, Seonaid Nic Lachainn, a Glascho, trì orain Ghaidhlig. Bha na seinneadairean eile uile math ach a chionn 's gur i a' Bheurla a bh' aca cha d' ràinig iad cridheachan nan Gaidheal mar a rinn Nic Lachainn.

Air Oidhche Shaimhne bha mi aig Ceilidh gasda a bha aig "Connradh na Gaedhilge Lunnduin," comunn Eireannach a tha 'deanamh oibre mhaith airson na Gàidhlig. Cha robh easbhuidh Gaidhlig an sin, gu dearbh cha robh dad idir ann ach Gaidhlig, aon chuid Eireannach, Gaidhealach, no Cuimreach. Bha seann phiobaire Eireannach an sin a bha gle ghleusda air 'inneal-ciuil. Thug e dhuinn ceol a bha binn aighearach, ach nam bheachd fein cha'n eil a phiob Eireannach idir ri bhi air a coimeas ri Piob mhor nan Gaidheal. Thug Eireannach coir eile, Mr. Ian O'Leary, oraid seachad an Gaidhlig, a moladh na cainnte agus a sparradh air na bha ga eisdeachd a cumail suas gu

dileas. Ged a b' i a Ghaidhlig Eireannach a bh'aige cha mhor a thubhairt e nach do thuig mi-fein, ni a tha 'dearbhadh cho fior dhluth air a cheile 's a tha an da mheanglan so de'n aon chraobh.

Tha na h-Eireannaich ag obair gu cruaidh air sgath na seann chainnt, agus an iomadh ni tha iad fada air thoiseach oirnne. Tha iad an dràs d a cur air chois paipeir-naigheachd ùr a dh'aon ghnòthach gu cùis na Gaidhlig a thogradh, agus bithidh earrann mhath dheth air a chlo-bhualadh anns a' Ghaidhlig Eireannach. Buaidh leis na Seoid.

Bhur caraid dileas,
CABAR-FEIDH.
Lunnain, 12-11-97.

Thatar a nise 'g radh gu bheil an t-òr anabarrach pailt ann an cearna de China. Tha an t-Urr Easbuig Hofman, a thainig as an dùthaich sin gu Columbia Breatunnach o chionn ghoirid ag radh nach tigeadh an Clondaic suas ris an àite sin idir ann an pailtead an òir. Tha na Chineich a' cladhach air a shon ach tha 'n dòighean cho fad air ais 's gu bheil a chuid mhor de'n stuth phriseil air a chall. Cha'n fhaod duine geal spaid a chur 'san talamh idir. Tha luchd-riaghlaidh China a dol a dheanamh rathad-iaruinn dh' ionnsuidh an àite; cha'n eil e ach mu shia fichead mìle á Pekin, cheana-bhaile na rioghachd.

Bha stoirm mhor mu na h-Eileanan Breatunnach toiseach na seachdain s'a chaidh. Rinneadh call mor air soithichean, agus chaill àireamh dhaoine am beatha. Chaidh aon soitheach a bhuineas do cheannaichean ann a Windsor, N. S., a chall, ach fhuair eadh an sgioba shàbhaladh.

[TD 186]

[Vol. 6. No. 24. p. 2]

Innsean na h-Airde 'n Ear.

Tha Breatunn gu leir ag aideachadh a nis gur e mearachd anabarrach a bha ann an cogadh a' Chrimea, no anns a' chogadh a bha Ruisia agus Breatunn, an Fhraing, na Turcaich, agus na Sairdinianaich bho cheann corr maith 'us da fhichead bliadhna. Bha Ruisia anns an àm ud, gle chealgach 'us gle shanntach. Tha 'suil daonnan air baile mor nan Turcach, agus air na comhnardan laghach, beartach a bhuineas doibh. Bha dochas laidir aice gu tainig àm us cothrom fior iomchuidh airson an Sultan fann, bochd a chur as 'aite, agus greim daingeann, dìongmhailta 'ghabhail agus a ghleidheachd air an oighreachd aluinn, bhoidheach a tha aige, ged tha e 'deanamh droch bhuil agus feum narach, oillteil di. Their iomadh neach an diugh gu b' fhearr gu tainig crìoch air rioghachd nan Turcach an uair a bha cogadh a' Chrimea ann, oir cha bhitheadh e comasach gu rachadh rioghachd air bith co fada chearr agus air seacharan ann an aite an t-Shultain

agus a luchd-riaghlaidh faoin, neo-dhuineil agus neo gheamhnuidh. Dhoirteadh moran fala anns a' Chrimea fhuar, iomallach. Is iomadh ceannard teoma, 'us ceatharnach foghainteach, a chaidh a mharbhadh mu thimchioll daingnich Shebaistopol. Thainig crìoch air a' chogadh amaideach, fhuileachdach, agus is gle bheag a choisinn iadsan a bha 'n aghaidh Ruisia airson gach saothair, 'us spairn, 'us oidheirp a rinn iad.

Is gann a bha sith 'us seasgaireachd aon uair eile anns an Roinn-Eorpa na bhrìst aramach eagalach a mach ann an <eng>India<gai>. Cha 'n eil e soilleir gus an latha 'n diugh cìod e 'n t-aobhar sonruichte 'bhrosnuich na h-Innseanaich gu ceannairc bhruideil a dheanamh. Tha moran a' saòilsinn agus a' cumail a mach, gu deachaidh innseadh do na saighdearan Innseanaich gu robh na peileirean a bha iad a' laimhseachadh air an comhdachadh le creis no le muc-bhlonag. O'n bha ann am beachd nan saighdearan 'n an aineolas tamailt air a cur air na h-abhaistean crabhaidh aca, dh' eirich am fearg suas agus rinn iad aramach an aghaidh an ceannardan agus an aghaidh luchd-riaghlaidh <eng>India<gai>. Tha daoine eile 'creidsinn gu robh Innseanaich sheolta, gheur inntinneach a' toirt fainear, mar bha Breatunn a sgaoileadh a h-ughdarrais thar cuibhrionn moir an deigh cuibhrionn de thir <eng>India<gai>. Bha iad mar so lan sgath 'us amharus gu robh beachdan 'us riaghladh Bhreatuinn a' dol a chur crìoch gu buileach air abhaistean 'us doighean riaghlaidh <eng>India<gai> fein. Shaoil iad gu robh cothrom gasda aca airson ainm 'us cumhachd Bhreatuinn a bhriseadh agus a mhilleadh gu tur. Is ann air an deicheamh la de 'n mhios Cheitein, 1857, a thoisich a' cheud cheannairc a rinn saighdearan <eng>India<gai>. Is e Canning a bha 'na ard-uachdaran ann an <eng>India<gai> aig an àm so. Cha robh fios no amharus ceart no dìongmhalta aig luchd-riaghlaidh na dùthcha gu robh aramach c[?] bruideil am fagus, agus gu robh na[?] nimheil air feadh <eng>India<gai> an aghaidh [?] Breatunnach. Anns na laithean ud, [?] an saoghal air a nasgadh mar th[?] diugh le innleachdan iongantach airson [?] 'us teachdaireachd a ghiulan o aon taobh na talmhainn gus an taobh eile. Cha robh sruth-chlais Shues fathast ann an uidheam. B' eigin do gach long 'us soitheachd-seolaidh dol air taobh ma dheas <eng>Africa<gai> air an slighe gus nan Innsean. Cha d' fhuaradh fios air ball air an aobhar so ann am Breatunn, air an staid mhuladach, agus chunnartach, luasganach anns an robh <eng>India<gai>. Is ann le [?], 'us deifir, 'us othail nach robh [?] lag, no suarach a chuir Breatunn [?] a cabhlach an ordugh airson [?] a seasamh fein a dhion ann an [?] an t-aramach a chiosnachdh [?] le laimh laidir, sgairteil. Cha [?] Cailean Caimbeul, an laoch [?], iomadh bliadhna ann an <eng>India<gai> [?] àm so. Thionndaidh a h-uile [?] Ghaidhealach ghasda, [?] a bh'fhearr na neach air bith [?] curam daingeann a ghabhail [?] a bha 'dol a mhuchadh [?]nan Innseanach. Chuir a' [?] air Cailean, agus thubhairt i ris, [?] bhithas thu deas a dh' fhalbh?" [?]aireach!" arsa 'n ceannard gleusda [?] an latha maireach thog Caile[?] rinn e cabhag airson <eng>India<gai> 'ruig[?].

Bu treubhach, bu dileas, bu ghaisgeil 'us b' aghartach a bha na ceannardan 'us na saighdearan Breatunnach ann an aire <eng>India<gai>, agus an uair a bha 'n t-aramach a' trusadh,

spionnadh 'us dalmachd. Ma bha riamh aig Breatunn laoich easguidh, neo-sgathach, mhearganta 'gleachd as leth a h-ainm 's a corach, b' iad na laoich a chiosnaich an t-aramach a rinn na h-Innseanaich. Aig Lucno, Caonpur, Delhi, agus aig iomadh aite 'us daighneach eile, rinn na Breatunnaich euchdan iongantach. Bha gach ceannard 'us saighdear calma 's durachdach 'n a aite 's 'n a inbhe fein, gus fadheoidh an d' fhuair iad buaidh air luchd an aramach gu buileach. An uair a bha gach ceannairc thairis, 's a bha ainm 'us suaicheantas Bhreatuinn laidir 'us proiseil a rithist ann an <eng>India<gai>, thainig crìoch air ughdarras na cuideachd a bha 'riaghladh<eng>India<gai>re iomadh bliadhna. Rinn iomadh ball de 'n chuideachd so moran stòrais a chosnadh anns gach malairt a bha eadar iad fein agus <eng>India<gai>. Aig Alahabad ann an 1858, chaidh ann an lathair raiahan, rìghrean, prionnsachan agus maithean<eng>India,<gai> an teachdaireachd aoibhneach a chur an ceill gu bitheadh a Bhan-rìgh ghrasmhor <eng>Victoria<gai>, a' rioghachadh thar sluagh lionmhor, iomadach <eng>India<gai>, 'na dheigh so, agus nach bitheadh tuilleadh ughdarras aig a chuideachd ud. O cheann beagan bhliadhnachan ghabh a' Bhan-rìgh an t-ainm urramach Ban-Iompaire <eng>India.<gai>

CONA.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VI.—EACHDRAIDH NAN TRI CHALADAIREAN AGUS NAN COIG MNATHAN-UISLE.

CAIB. XXIII.

"A bhaintighearna, tha thu dluth air crìoch do bheatha; smaoinich am bheil ni sam bith agad ri thoirt seachad mu'm faigh thu bas," ars an seirbhiseach a fhuair ordugh mo mharbhadh.

'Dh' iarr mi cead facal no dha a radh, agus fhuair mi sin. Thog mi mo cheann, agus sheall mi le mor-thogradh ri m' fhear-posda, agus thuirt mi, "Ochn," nach bochd an suidheachadh anns am bheil mi! Am feum mi am bas fhulang 's mi cho og?"

Cha b' urrainn mi 'n corr a radh, oir bhrìst mo ghal orm. Cha d' thainig taiseachadh sam bith air m' fhear-posda, ach, an aite sin is ann a bha e 'gam shìor mhaslachadh; agus cha deanadh e feum sam bith dhomh aon fhacal a radh ris. Thoisich mi mu dheireadh ri guidhe gu durachdach air gu 'n leigeadh e leam mo bheatha; ach cha tugadh e geill sam bith dhomh. Bha e sìor iarraidh air an t-seirbhiseach mo mharbhadh. Aig a' cheart mhionaid anns an robh mi gu bhith air mo chur gu bas, thainig an t-seana bhean a steach, agus thuit i air a gluinnean aig a chasan. "Mo mhac," ars' ise, "is mise bu bhan-altrum dhut o'n a rugadh thu, agus is mi a dh' araich thu, air mo sgath fhein leig a beatha leatha. Cuimhnich gu 'n cuirear gu bas iadsan a chuir muinntir eile gu bas. Ma bheir thu air falbh a beatha cuiridh tu smal air do chliu, agus caillidh tu meas an t-sluaigh gu leir. Labhair i ris ann am briathran cho druiteach 's gun do bhuaidh i air mu dheireadh.

“Air do shon fhein, ma ta,” ars’ esan, “leigidh mi leatha ’bhith beo; ach bidh comharran oirre leis am bi cuimhne aice air an olc a rinn i.”

An uair a thuirt e so, dh’ ordaich e do dh’ fhear dhe na seirbheisich iomadh buille a thoirt dhomh te slait anns a bhrollach. Bha gach buille ’g am lot gu trom, gus mu dheireadh an do thuit mi ann an neul. ’Na dheigh sin thugadh air falbh mi agus dh’ fhagadh ann an taigh eile mi, far an robh seana bhoirionnach a’ toirt an aire dhomh. Bha mi ceithir miosan gun charachadh bhar na leapadh. Mu dheireadh chaidh mi am feabhas. Sin mar a thainig na lotan gu bhith air mo bhrollach.

Cho luath ’s a bha mi comasach air coiseachd, chuir mi romham gu ’n rachainn do ’n taigh a bh’ agam mu ’n do phos mi an dara uair, ach cha robh e ri fhaotainn. An uair a bha ’m fear a bha posd’ agam ann an teas na feirge, dh’ ordaich e an taigh agam a leagadh, agus gun chlach fhagail air an laraich. Tha mi ’creidsinn nach cualas a leithid so de ghnìomh eucorach riamh roimhe; ach cha ’n eil fhios agamsa co an aghaidh an dean mi gearain. Cha ’n eil fhios agam c’ aite am bheil am fear a rinn

[TD 187]

[Vol. 6. No. 24. p. 3]

an t-olc orm, agus cha ’n eil mi cinnteach gu ’n aithnichinn e ged a chithinn e. Agus ged a dh’ aithnichinn e, is docha nach rachadh agam air aicheamhal sam bith a thoirt dheth air son na rinn e orm. Air do ’n chuis a bhith mar so, cha bu dana leamsa mo ghearain a dheanamh ri luchd-riaghlaidh a’ bhaile.

O ’n a bha mi lom, falamh, aonaranach, chaidh mi far an robh mo phiuthar, Sobaide agus dh’ innis mi dhi an cruaidh fhortan troimh ’n deachaidh mi. Ghabh i rium le mor chaoimhneas, agus chomhairlich i dhomh giulan gu foighidneach le m’ staid. “So doigh an t-saoghail,” ars’ ise; “bheir e uainn ar cuid, no ar cairdean, no luchd ar graidh, agus mar is trice bheir e uainn iad so uile a dh’ aon bheum.”

Mar dhearbhadh gu’n robh so fìor, dh’ innis i dhomh mar an ceudna mar a thachair dhaibh a bhith air an cur ann an riochd da ghallaidh. Mu dheireadh an uair a nochd i iomadh comharradh air a mor chaoimhneas, thug i Safi, mo phiuthar a’s oige an lathair, agus dh’ innis i dhomh gu ’n robh i ’fuireach comhladh rithe o’n a dh’ eùg a mathair.

Thug sinn taing do Dhia do bhrìgh gu ’n robh sinn maille ri cheile aon uair eile, agus runaich sinn gu ’n caitheamaid ar beatha maille ri ’cheile. Tha sinn o chionn iomadh bliadhna ’fuireach comhladh. O ’n is e mo dhleasdanas-sa gach ni fhaotainn air am bi feum aig an taigh, tha mi ’dol g’ a cheannach. An uair a chaidh mi ’mach an de a

cheannach nithean a bha 'dhith oirnn, thug mi air a phortair an toirt dhachaidh. An uair a chunnaic sinn gu 'n robh e 'na dheadh fhear-cuideachd, leig sinn leis fuireach maille ruinn gu spors is feala-dha a dheanamh dhuinn. Anamoch feasgar thainig an triuir chaladairean, agus ghuidh iad oirnn cuid na h-oidhche a thoirt dhaibh. Dh' aontaich sinn gu'n deanamaid sin air chunhnantan a chur orra 's a chuir sinn air na caladairean; ach cha do chum a h-aon aca ris na cumhnantan air an d' fhuair iad a steach, agus ged a rachadh againn le ceartas air aicheadhail a thoirt dhiubh, leig sinn leatha falbh an uair a dh' innis iad dhuinn eachdraidh am beatha. Cha d' rinn sinn de pheanas orra ach nach leigeamaid leatha fuireach na b' fhaide maille ruinn anns an taigh.

Chord na naigheachdan so anabarrach math ris an righ, agus dh' aidich e gu 'n do chuir iad ioghnadh mor air. Smaoinich e gu 'm bu choir dha urram a chur air an triuir chaladairean, o 'n a bha iad 'nan cloinn righrean, agus mar an ceudna air an triuir mhnathan-uaisle. Thuirt e ri Sobaide, "A bhaintighearna, an d' innis a' bhean-shithe, a chuir do pheathraichean fo gheasan, c'aite am bheil i fuireach? No, an do gheall i gu'n togadh i na geasan bhar do pheathraichean?"

"Le 'r cead, a righ," arsa Sobaide, "dhi chuimhnich mi innseadh dhuibh gu 'n d' thug i dhomh bad gruaige, agus gu 'n dubhairt i rium gu'm [?] agam air a cuideachadh latha eig[?] na 'n loisginn a' ghruag, gu'n tig[?] a' mhionaid far am bithinn."

"A bhaintighearna," [?] an righ, "c'aite am bheil a' ghruag?"

Fhreagair Sobaide, [?] mi 'g a gleidheadh gu curamach riamh o 'n a fhuair mi i; tha i agam an so." An uair a thuirt i so, thug i as a pocaid a' cheis anns an robh 'ghruag.

"Loisgeamaid i gun dail; oir tha toil agam a' bhean-shithe fhaicinn. Cha b' urrainnear a gairm ann an am bu fhreagarraiche," ars' an righ.

Thilgeadh a ghruag 's an teine 's a' mhionaid. Thoisichinn [?] airt ri dhol air chrith, agus ann an [?] 'bhean-shithe 'na seasamh an lathair an righ, agus i ann an eideadh anabarrach eireachdail.

"Le 'r cead a righ, th[?] a' faicinn gu 'm bheil mise deas gu [?] bith a dheanamh a dh'iarras sibh o[?] 's ise. "Rinn a' bhean-usal a gh[?] 'ur ainmse obair mhath dhomh. [?]mharradh air mo thaingeachd dh[?] dioghaltas air a dithis pheathraichean [?] cho eucorach 's a bha iad; ach [?] bhur toilse e, cuiridh mi iad anns [?] 's an robh iad roimhe."

"A bhean-shithe [?]" ars' an righ, "cha b' urrainn dut [?] mho a thoirt dhomh na sin; dear[?] a tha thu 'g radh, agus feucha[?] i caoimhneas a nochdadh dhaibh [?] gu'n dichuimhnich iad ann an tomhas gach peanas a dh' fhuiling iad. A bharrachd air sin, tha fabhar eile agam ri iarraidh ort, agus is e sin, gu 'n innis thu dhomh ainm an duine a bha posda ri Aimini, agus a bhuin cho cruaidh-chridheach

rithe. O'n a tha mi creidsinn gu'm bheil fhios agad air moran nithean, tha fhios agam gur aithne dhut an duine so. Innis dhomh co e; oir rinn e gnìomh ro eucorach oirre; agus tha ioghnadh orm gu 'm b' urrainn neach sam bith a leithid de dhroch ghnìomharan a dheanamh anns a' bhaile gu'n fhios dhomh."

"A chum comain a chur oirbh," ars' a' bhean-shithe, "cuiridh mi an da ghalladh anns a' chruth anns an robh iad roimhe, agus leighisidh mi na h-athailtean a th' air brollach na baintighearna air dhoigh 's nach aithnichear gu'n robh iad riamh ann; agus innsidh mi dhuibh ainm an fhir a chuir ann iad."

Chuir an rìgh a dh' iarraidh an da ghalladh do thaigh Sobaide. An uair a thainig iad dh' iarr a' bhean-shithe glaine uisge 'thoirt g' a h ionnsuidh. An uair a labhair i briathran os cionn an uisge nach do thuig neach sam bith, thilg i cuid dheth air Aimini, agus a' chuid eile air an da ghallaidh. Ann an tiotadh cha robh athailte ri fhaicinn air brollach Aimini, agus bha 'n da ghalladh 'nam boirionnaich cho briagha 's a chunnaic duine riamh.

An sin thuirt a bhean-shithe ris an rìgh, "Innsidh mi nis dhuibh co am fear a bha posda ri Aimini, agus a rinn an droch dhiol oirre. Tha e gle chairdeach dhuibh fhein; oir is e bhur mac a's sine. Thuit e ann an trom ghaol oirre an uair a chuala e gu 'n robh i 'na boirionnach anabarrach maiseach, agus leis na caran thug e oirre gu 'n do phos i e. Tha beagan dhe 'leithsgeul ri ghabhail ged a rinn e droch dhiol oirre; oir cha robh i cho faiceallach oirre fhein 's bu choir dhi; agus bheireadh na leithsgeulan a thug i dha air a chreidsinn gu 'n robh i na bu chiontaiche na bha i. Cha 'n eil an corr agam ri radh." An uair a thuirt i so chaidh i as an t-sealladh.

Bha 'n rìgh anabarrach toilichte a chionn gu 'n deachaidh aige air math a dheanamh do 'n triuir bhoirionnach, agus chuir e roimhe gu 'n cuireadh e gach cuis ceart gun dail sam bith. Chuir e fios air a mhac, agus thuirt e ris gu 'n d' innseadh dha gu 'n do phos e Aimini gun fhios dha, agus gu 'n do throm-lot e i air son fìor bheagan aobhair. An uair a thuig a mhac gu 'n robh fhios aig 'athair air gach ni a rinn e, ghabh e Aimini g' a ionnsuidh mar a bhean laghail, phosda, gun dail sam bith.

An sin dh' aidich an rìgh gu 'n robh e suidhichte gu 'm posadh e fhein Sobaide. Chuir e mu choinneamh nan caladairean gu 'm posadh iad na trì mnathan-uaisle eile. Dh' aidich na caladairean gu 'n robh iad gle thoileach deanamh mar a bha 'n rìgh ag iarraidh orra. Thug so toileachadh mor do 'n rìgh. Thug e dhaibh taighean mora, briagha anns a' bhaile, agus rinn e comhairlich dhiubh.

Gun dail sam bith fhuaradh a steach cleireach a bhaile, agus sgrìobh e na cumhnantan posaidh, agus an oidhche sin fhein thoisich na coig bainnsean, agus mhair iad seachd latha agus seachd oidhche. A h-uile latha ri 'm beo bheireadh na trì chaladairead agus na coig mnathan-uaisle am mìle beannachd air an rìgh ainmeil, Haroun Alrashid.

(A' chrìoch.)

Seana Chleachdaidhean Gaidhealach.

LE IAIN MAC 'ILLEATHAIN.

(Air a leantuinn.)

BAINNSEAN.

Bheir mi nis cunntas air banais Ghaidhealach a chionn leth-cheud bliadhna. Bithidh cuimhne agaibh air an da ghil' òg a dh' fhalbh a shuiridh air nighinnean Eachainn Duibh; cha d' fhuair Eachann greim orra air an oidhche ud, no air iomadach oidhche 'na dheigh. Oidhche de na h-oidhchean thubhairt Calum ri Anna gu 'n robh e 's a' bheachd nach faigheadh iad àm na 's freagarraiche dhaibh posadh; cha d' thubhairt Anna tha no cha 'n eil, a b' urrainn dhomhsa 'chluinntinn, ach tha fios agam gu 'n do chuireadh fios a dh' ionnsuidh Chalum e a thighinn le a' phàrantan air a'

(Air a leantuinn air taobh 190.)

[TD 188]

[Vol. 6. No. 24. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,

<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 10 DESEMBER, 1897.

Chruinnich àrd-phàrlamaid, no <eng>congress,<gai> nan Stàitean Di-luain. Cha d' rinneadh a' bheag air an latha sin ach òraid a Chinn

Shuidhe a lughadh. Bha an òraid sin a' toirt iomraidh air caochladh nithean a tha tarruinn aire anns na Stàitean aig an àm so. Tha McKinley a' labhairt gu math sìtheil mu Chuba; cha'n eil dragh sam bith ri bhi air a chur air an Spainn am a feuchainn ri cùisean a cheartachadh air an eilean sin. Tha e air son eileanan Hawaii aonadh ris na Stàitean gun dàil sam bith, ni a bhi e-fhéin agus àireamh mhòr de shluagh nan Stàitean air son a dheanamh o chionn fhada. Tha e toirt iomraidh air an ionnsuidh a thathas a' toirt aig an àm so air réit a dheanamh eadar iad fhéin us Canada us Breatunn a thaobh nan ròn ann an Cuan Bhehring, ach cha 'n eil e 'cur moran soluis air a chùis. Tha e ag radh gu bheil e air son a dhùthaich a bhi aig sith ri uile chinneacha na talmhainn, agus gu'm b'e 'mhiann gu'm biodh gach aimhreit a dh' fhaodas éiridh eadar aon dùthaich agus dùthaich eile air an réiteach ann an sith. Tha e 'labhairt mu nithean eile, mar a tha 'n <eng>tariff,<gai> cùinneadh na dùthcha, agus an leithide sin air nach leigear a las moran iomraidh a thoirt oir buinidh iad a mhain do na Stàitean fhéin.

Gheibhear air taobh eile litir á <eng>New Zealand<gai> o Dhomhnull Rothach anns am bheil e toirt iomraidh air Comuinn Ghàilig anns an dùthaich sin. Chuir e ugainn aig an àm cheudna paipearan-naigheachd anns a bheil cunntas air aon no dha de choinneamhan nan comunn sin air a thoirt. 'Se Mr. Rothach fhéin is ceann-suidhe do chomunn Dhun-aidinn. Bha a' choinneamh bhliadhnail aig aon de na Comuinn aig àite ris an canar <eng>Hakataramea<gai> air an deicheadh latha de <eng>September<gai>. Bha cruinneachadh gasda aca, agus fhuair a' Ghàilig làn cheartas uapa. Bha òrain, òraidean, agus leughaidhean Gàilig air an toirt [?] agus bha gach ni bho thoiseach g[?]adh na coinneimh cho Gàidhealach ri[?]oine. Tha sinn an dòchas gu soribhich Comuinn Ghàilig <eng>New Zealand<gai> agus gu'n [?] iomadh latha agus bliadhna seachad [?] leig iad leis a Ghàilig a dhol bàs 's an dùthaich sin.

Tha duine tha air tilleadh á Alaska, agus a tha air son a cho-chreutairean a chumail o dhol uile gu leir do 'n Chlondaic, ag radh gur e so an aon dòigh a's fhearr a ghabhas faotainn do dhuine air son e-fhéin a cheannsachadh gu fuireach aig an tigh "Rachadh e mach do'n choille maduinn reòta 'sa gheamhradh, gun a bhraiceast a ghabhail; cladhaich[?]toll sia troighean deug a dhoimhnead anns an talamh; thigeadh e dhachaidh an deigh dorachadh na h-oidhche agus air dha a [?]ear a dheanamh air criomag bheag de[?] <eng>buffalo<gai> air a dhroch bhruich, caidleadh [?] tigh a' chonnaidh." Tha e 'dol an ur[?] leighis e mar sin fiabhrus a' Ch[?] an ùine gle ghoirid.

Thugadh ionn[?]chionn beagan ùine air ais air fear-r[?] Mecsico a mhort. Ghabh cuid de [?]r agus de luchd-dreuchd na dù[?] fhéin an duine truagh a thug an [?]h sin air a chur gu bàs gun a thoirt [?]dir, agus rinn iad sin. Ach chaidh [?] a chur an greim gun dàil, 's an to[?], agus tha iad a nise air an dit[?] às. Teagaisgidh sin do'n t slugh leasan nach misd' iad idir-gur ann do lagh na dùthcha a mhàin a bhuineas an cumhachd beatha duine thoirt air falbh, ge b'e de cho ciontach 'sa dh'fhaodas e a bhith.

Tha na fiosan mu dheireadh a thainig á <eng>Cuba<gai> ag innse sgeul

uamhasach, gu bheil mu dha fhichead mìle dhe'n t-sluagh air bàsachadh le gorta air sàilleabh a chogaidh. Thatar a' meas gu'n do chaill gle fhaisg air coig cheud mìle (500,000) am beatha o'n thòisich an cogadh, eadar na bhàsaich le gorta no le fiabhrus, agus na chaidh a mharbhadh anns na blàir. Tha so 'na sgrios uamhasach, ach cha d' thainig a reir coltais crìoch air fhathast, oir cha'n eil taobh seach taobh toileach sgur.

Cha deach a mharbhadh air uile ròidean-iaruinn Bhreathuinn an uiridh ach ochdnar. Bu luchd-siubhail coig dhiubh sin; bha'n triùir eile ag obair air na carbadan. Cha'n eile mar sin ach aon duine air a mharbhadh as gach 186,067,395, a ghabh an turus air na carbadan. Tha so ag innse gu bheil na ròidean-iaruinn anns an t-seann dùthaich gle shàbhailte.

Tha Parlamaid Chanada gu suidhe air an fhicheadaibh latha dhe'n bhliadhn' ùir, 'se sin a thatar ag radh co-dhiu. Bu mhath an cleachdadh dhaibh a dheanamh a bhi cruinn trath 'sa bhliadhna, agus sgaoileadh trath 'san earrach mu'n tig blàths an t-samhraidh agus àm na h-obrach.

La Feill Andrais.

So fios a fhuair Gaidheil Hamilton 'nuair a bha iad a' cumail Féill Andrais:-

CAS CAMUS DHEORSA, Nov. 30, 1897.

Gu Alasdair Mac-a-Phearsain, Comunn Naoimh Andrais, aig a Bhaile aig bun na Beinne, Ont.,

Slàinte dhuibh us fallaineachd,
Us air ur barrachd sòlais.

DOMHNALL MAC FHEARGHAIS,
Sgrìobhadair.

Rinn an clo-bhualadair mearachd anns an fhios a thainig dh' ionnsuidh a Chomuinn Chaledonianach. An aite "Alasdair Mac-a-Phiocair," 'se "Alasdair Mac-a-Phearsain" bu chòir a bhi ann.

Tha pàrlamaidean Chuibeic agus Ontario 'nan suidhe. Bha pàrlamaid Ontario air a fosgladh a cheud uair le Sir Oliver Mowat air Di-mairt air an t-seachdain s'a chaidh.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an am cheudna a' cumail air adhart air an t-seann

laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa, Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa.
'GAN CREIC SAOR.

[TD 189]

[Vol. 6. No. 24. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh tigh anns an robh moran crithneachd an gleidheadh, 'na theine ann an <eng>Kingston, Ont.,<gai> toiseach na seachdain s'a chaidh. Tha 'n call air a mheas aig leth-cheud mìle dolair, ach bha roinn de dh' airgead-cinnteachaidh air.

Tha Cuideachd a' Ghuail an deigh aonta dheanamh ri cuideachd ann am Boston a tha air son ochd ceud mìle tunna de ghual min fhaotainn uatha na h-uile bliadhna. Bu choir gu 'n deanadh sin an obair anns na mèinnean gu math na 's fhearr na bha i o chionn beagan bhliadhnaichean air ais.

Tha fear Mac Leòid anns a phrìosan 'sa bhaile so air son sgian a stobadh ann a fear eile d' an ainm <eng>Wilson<gai>, aig a Mhèinn Uir. Rinn e sin ann a' sabaid a bh' aca o chionn dha no trì sheachduinean air ais. Tha <eng>Wilson<gai> gun chomas gluasaid fhathast, agus cha bhì Mac Leòid air a thoirt gu cùirt gus an teid aig <eng>Wilson<gai> air tigh'nn a thoirt fianuis 'na aghaidh.

An deigh na Bliadhn' Uire, faodar litir a chur á Canada a null do Bhreatunn air son trì sentichean, an aon phris 'sa tha ri phàigheadh air son litir a chur gu àite sam bith an Canada fhéin. Tha so 'na ni gle mhath, agus tha sinn an dòchas nach fhada gus am faic iadsan a

tha riaghladh na dùthcha an rathad rèidh gu postachd nan litrichean a leagail gu da shent, mar a rinneadh anns na Stàitean o chionn àireamh bhliadhnaichean.

Thainig boirionnach a bha fuireach faisg air a' bhaile so, <eng>Mrs. Boutilier,<gai> ri beatha fhéin seachdain gus an Di-ciaduin s'a chaidh. Bha a fear-pòsda air falbh o'n tigh aig an àm, agus dhùin i a chlann a stigh, 's leum i ann an loch uisge bha faisg air cùl an taighe, far an robh i air a bàthadh. Bha i anns an ospadal ann a Halifacs o chionn ghoirid, agus cha 'n eil teagamh nach e 'n tinneas troimh 'n deachaidh i a chuir a h-inntinn air aimhreit.

Chaidh tigh na theine ann a <eng>Richibucto, N. B.,<gai> 'sa mhaduinn Di-luain, agus bha Padruig Poirier, a bha leis fhéin anns an tigh, air a losgadh gu bàs. Bha e mu thri fichead bliadhna 'sa deich a dh' aois, agus bha e o chionn treis a dh' ùine 'cumail taighe leis fhéin. Cha 'n eil fhios ciamar a thòisich an teine; 'nuair a rainig n a coimhearsnaich an tigh, cha robh dòigh air a shàbhaladh, agus cha d' fhuair e corp an duine thruaigh a bha na 'bhroinn gus an robh an tigh air a losgadh gu làr.

Thainig bas gle aithghearr air Iain Mac-a-Bhiocair anns a' bhaile so, 'sa, mhaduinn Di-satharna s'a chaidh. Bha e anns an stor gu naodh uairean oidhche Di-haoine, agus chaidh e chadal aig deich uairean, 's e a reir coltais cho slàn 'sa b' àbhaist da. Mu dha uair 'sa mhaduinn dhùisg e 's e ann an cradh mor, agus mu thri uairean chaochail e. 'S e tinneas a' chridhe a thug a bhàs. Bha e da fhichead bliadhna 'sa naodh a dh' aois, agus cha robh e pòsda idir. Bha e air a thiodhlacadh Di-màirt leis na Saor-Chlachairean, agus lean aireamh mhor an giùlan dh' ionnsuidh a chladh.

Tha mèinn ùr ghuail air a faotainn an dràsda a ni feum mor do 'n bhaile so ma theid a h-obrachadh. Tha i air seana rathad Chow Bay, faisg air Loch Chochran, mu cheithir mìle deug a mach á Sidni. Buinidh i do Mhr E. T. Moseley agus do dhaoine eile mhuinntir a' bhaile a tha 'n cuideachd ris. Tha cuideachd laidir ri bhi air a cur ri chéile gun dàil air son a' mhèinn fhosgladh agus obrachadh. Tha sinn an dòchas gu bheil a' mhèinn ùr so cho math 'sa tha 'san ainm, agus nach ruith moran ùine gus am bi i air a h-obrachadh. Ma thig sin gu crìch, cuidichidh i ann an tomhas mor le Sidni agus leis an dùthaich air fad.

Dh' fhalbh seachd duine deug le soitheach á Boston o chionn ghoirid air son a dhol do'n Chlondaic. Bha iad a' cur rom[?]ol timchioll <eng>Cape Horn,<gai> ach an la roimhe b' [?] dhaibh stad ann am Bermuda 's an soitheach [?] feum caraidh.

Chaidh fear Iain Dom[?]ach a mharbhadh leis na carbaid-iaruinn ann an <eng>Stellarton, N. S.,<gai> seachdain gus an Di-luain s'a chaidh. Bha e crom a togail ni eigin bhar an làir nuair a bhual carbad 'sa cheann e, 'ga leagail, agus chaidh na cuidhlichean thairis air; bha e marbh air ball. Bha e 'na conductor air na carbaid.

Bha tuathanach d' am b' ainm <eng>Rob Forest<gai> a bha fuireach ann an Grafton, an siorrachd <eng>Queens<gai>, ag obair ann an coille-dhuibh aon latha o chionn da sheachdain air ais, agus dh' òl e deoch de dh' uisge a bha fad dha no trì lathaichean ann an coire copair. Beagan an deigh dha òl, dh' fhas e tinn; chaidh dotair a thoirt g'a ionnsuidh, ach a dh' aindeoin na rinneadh air a shon, chaochail e. Bha an t-uisge bhar meirg a chopair an deigh a phuinnseanachadh.

Tha <eng>Lyman Dartt<gai> o chi[?] us seachdain a' seasamh cùrtach ann an [?] air son mort an Armenianaich. Cha 'n e[?] faisg air a bhi criochnaichte fhathast, [?] doirbh a dheanamh a mach co-dhiu th[?] eil an gille ciontach. A reir sgeòil [?]ean a chaidh a cheasnachadh aig a' chù[?] Dartt na òganach air an robh deagh chl[?] choimhearsnachd. Thatar ag radh gu bheil [?]hrus air a leagail air fear d' an ainm Ach[?] o chionn ghoirid air a chur d'an tigh-ob[?] cionta eile.

Bha an duais a th[?]oirt seachad gach bliadhna ann an Oi[?] Ban-righ'nn, an <eng>Kingston<gai>, air son fog[?]g, air a toirt a mach am bliadhna le [?] Friseal, duin' òg a mhuinntir na h-Ac[?]ire. 'S fhiach an duais trì fichead dolair, agus tha i air a toirt seachad le Mr. M. C. Camaran, á <eng>Cornwall.<gai> Choisinn roinn mhath de ghillean Cheap Breatunn an duais sin bliadhnaichean roimhe, agus tha sinn toilichte chluinntinn gu bheil fear eile air a dhol ri 'n aireamh am bliadhna. Bha Mr. Friseal air an t-samhradh s'a chaidh a saothreachadh mar cheistear air Eilean Phictou.

Thachair ni cianail faisg air Antigonish air an t-seachdain s'a chaidh. Dh' éirich bean as an leabaidh air feadh na h-oidhche, agus thug i mach am pàisde a bha 'na chadal anns a chreathail, agus an deigh a lot gu dona le sgian, chuir i stigh fo bhonn an t-sabhail e. Air dhi tilleadh a stigh dhùisg a fear-pòsda, agus thug e fa-near gu robh i as a rian. Thuig e uaipe nach robh am pàisde anns a chreathail, agus gu grad dh' éirich e, 's thug e oirre dhol a mach a shealltuinn dha càite 'n do chuir i e. Rinn i sin, ach bha am pàisde bochd beul ri bhi marbh, agus mu 'n gann a ràinig 'athair an tigh leis thilg e an anail. Tha a bhean thruagh ri bhi air a cur dh' an tigh-chaothaich.

Chaidh fear Seumas Mac Fhearghais, a mhuinntir Cheap Breatunn, a mharbhadh ann a mèinn Springhill mu dheich uairean 'sa mhaduinn Dimàirt. Chaidh a bhualadh le meall de chloich a thuit air, agus bha e air a mharbhadh gu grad. Cha d' fhuair e a chorp a thoirt as an tòrr cloiche a thuit air gu treis an deigh meadhon latha. Dh' fhàg e bean agus ceathrar chloinne. Bha e 'na dhuine a bha gle mheasail aig gach aon a bha eolach air. Bha da mhile dolair de dh' airgead-cinnteachaidh air a bheatha. Bha e-fhéin agus daoine eile aig an àm a' cur as teine a bha anns a mhèinn. Chaidh teanadh gle chaol air cuid de chach, ach cha do leònadh duine ach esan. Bhuineadh Mac Fhearghais do Charribou Marsh, far am bheil dithis bhràithrean dha a fuireach. Tha bràthair eile dha faisg air Sidni.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.
Brogan matha saor.
Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35
Orain Iain Luim
.35
Gramer Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.
Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 190]

[Vol. 6. No. 24. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 187.)

cheud Dhi-màirt agus gu 'm faiceadh iad gu de 'n cordadh a b' urrainn dhaibh a dheanadh anns a' chùis. Cha robh aig a' chordadh ach màthair agus athair Chalum, agus a chompanach fhein air a thaobh-san, agus air taobh na h-ighinne, bha a màthair 's a h-athair. Cha robh e air a mheasadh freagarrach gu 'm bitheadh na 's motha na so anns a' chuideachd, gun fhios an cordadh na seann daoine anns na cumhnantan pòsaidh. Air an oidhche so chòrd na seann daoine gu h-anabarrach mu 'n tochar, agus bha an latha air ainmeachadh, Di-ciaduin a b' fhaisge. Air oidhche Dhi haoine an deigh so bha an reiteachadh ann, an tigh athar bean na bainnse, agus bha 'n fheadhainn a bu chairdiche do 'n charaid òig air an iarraidh do 'n chuirm mhoir a bh' aca air an oidhche so, agus bha dannsa aca gu maduinn. Thug Calum leis buideal na bainnse a dh' ionnsuidh an réitich agus dh' fhag e ann an tigh athar-ceil' e. B'e athair fhein fear na buideal, agus bha e 'tighinn a nall fad na tri laithean roimh 'n bhanaid a riarachadh a mach an uisge-beatha do 'n fheadhainn a bha tighinn le cuideachadh. Chuireadh gill' òg a mach a measg nan cairdean 's na coimhearsnaich le fios na bainnse, agus cha d' fhagadh tigh o cheann gu ceann a' bhaile nach robh fios air fhagail ann. Fad na tri laithean roimh 'n bhanaid bha na cairdean 's na coimhearsnaich a tighinn le cuideachadh; feadhainn le cearcan, feadhainn eile le ìm 'us càise, agus na h-uile ni a b' urrainn dhaibh a thoirt seachad de 'n stòras. Chuir bean fir Hìnis caora le Iain Domhnullach, an ciobair. Air Di-dònaich an deigh an reitich, bha na h-éighich air an cur a stigh; bha an da fhleasgach aice-se, 's an da fhleasgach aige-san air an cur air leith airson na h-oibre so. Ghabh iad am breacus 'an tigh Eachainn Duibh, agus dh' fhalbh iad do 'n eaglais a dh' fhaicinn a mhinisteir mu 'n rachadh e suas do 'n chrannaig. Rainig iad an eaglais ann an deagh àm, agus thug iad do 'n mhinisteir ainmean na caraaid oig a' bha dol a phòsadh. 'Nuair bha an t-searmoin seachad agus mu 'n d' eirich duine á aite suidhe, sheas an cleireach suas ann an dorus na h-eaglaise 'us leugh e mach na h-eighich. An deigh do 'n charaid oig a bhi air an eigheach, thug na gillean dràm do 'n chleireach 's do na foirfich á botull eighich fhad 'sa chaidh e. Cha robh bean na bainnse no fear na bainnse, aon seach aon dhiu, aig an eaglais air an latha so. Air maduinn Di-luain thoisich an obair, le spionnadh chearc 'us thunnag, le fuine, 's le cocaireachd, 's leis gach ni a bha ri dheanadh airson an latha mhoir, bha an lamhan cho trang 's a bheireadh iad; thug na mnathan mu 'n cuairt cuideachadh dhaibh anns an obair so. B'e an t aon latha pòsaidh ann an Tìreadh aig an àm so, Di-ciaduin. Tha an rann so á òran a rinneadh le Alasdair Mor (cha 'n e so 'ur caraaid a chunnaic sinn aig a' cheilidh), a leigeil fhaicinn dhuinn gu 'm b'e cleachdadh an dùthcha:-

Di-màirt, chaidh ia[?] dh' iarraidh nan òg-mhnathan,
 Pòsaidh iad Di-ciad[?] mar dh' òrdachadh,
 Di-sathuirne le 'm po[?] air an druim,
 Bheir iad <eng>"Committee"<gai> Mhic an-Toisich orra.

O'n a dh' eirich a ghrian air maduinn Di-ciaduin bha iad air an cois 'an tigh na bainnse, agus cha do chuir iad seachad mionaid ann an diomhanas. Bha bean na bainnse a deanamh deas 'an seomar air leth,

agus bha 'bhean a bu gleusda lamhan anns a' bhaile an sin g'a cuideachadh; cha robh bean na bainnse ris an t-seomar sin fhagail 'nuair a bha 'h-aodach oirre gus an tigeadh fear na bainnse. Gle thrath 's a mhaduinn bha na càirdean ag cruinneachadh a dh' ionnsuidh na bainnse; a cairdean-se do thigh a h-athar [?] a chairdean-san do 'thigh-san. Mu [?] uairean 's a' mhaduinn thog fear [?]ainnse air, le chuid dhaoine a dh' [?] bean na bainnse. 'Nuair a rainig i [?] dh' fhailtich na càirdean a cheile [?]aidh calum a stigh do 'n t-seomar fa[?] robh Anna a feitheamh air, agus c[?] failte chridheil oirre; thainig e air ais [?] na cuideachd an deigh dha 'faicinn [?] an uine ghoirid thainig bean na[?] a stigh do 'n t-seomar far an [?] breacus air a chur a mach, air gair[?] h-athar, le maighdeannan 's le [?]hean 'n a deigh. Shuidh iad aig na [?] na bainnse, a h-athair, 'sa maighdeannan 'sa fleasgaichean aig ceann a' bhuid; Calum 's a mhaighdeannan 's a fhleasgaichean aig casan a' bhuid. Cho luath 's a bha 'm biadh so seachad, thog iad orra dh' ionnsaidh a' mhinisteir, a phòsadh. Air ceann na cuideachd dh' fhalbh na piobairean a seinn gu cridheil, "Bha mi aig banais 'am bail' Inbhiraora;" 'n an deigh bha bean na bainnse air gàirdean a h-athar, a maighdeannan 's a fleasgaichean, agus a càirdean-se, dithis 'us dithis; an deigh cuideachd bean na bainnse bha Calum 's a chairdean fhein a leantuinn anns an aon doigh. Air an eaglais a ruigheachd sheas cuideachd fear na bainnse a mach gus an deach cuideachd bean na bainnse a stigh, agus an sin chaidh iad a stigh, agus chruinnich iad mu 'n cuairt air beulthaobh na crannaige leis a' mhinisteir, a' charaid òg, am parantan, na maighdeannan 's na fleasgaich anns a' mheadhon. 'N uair a bha am pòsadh seachad, bha 'charaid òg a toirt fainear gu 'n thionndadh iad air falbh le cheile bho stol a' phòsadh, chionn bha iad ag creidsinn a chiad aon a thionndadh air falbh gur e a' cheud h-aon a gheibheadh bàs. Pòsda a nis, thainig iad a mach as an eaglais agus ghabh iad an rathad dhachaidh anns a' cheart ordugh 's an d' thainig iad. 'N uair a rainig iad dhachaidh bha dram math de dh' uisge-beatha, le aran 'us ìm, 'us cais, air an cionn, chuir iad an sin a bheagan uine a bh' eatorra 'us sia uairean seachad le dannsa, agus aig an uair sin bha an suipeir aca, agus b'i an t-suipeir mhor. Aig an t-suipeir, bha 'charaid òg a suidhe aig ceann a' bhuid. Gu tric bha e dluth air aon uair deug mu 'm bitheadh an t-suipeir seachad. Chuireadh air falbh na buird, agus thoisich iad a rithist air dannsa, agus chaidh iad ris gu duineil gus an do shoillsich an latha. 'Nuair thainig àm dol a laidhe 'us a fhuair a bhean òg d'a leapa, thilg i a stocaidh chli thar a gualainn deas, agus ge b'e co a bhualadh i, b'e am banais-san an ath te a bhitheadh ann. Thugadh fear na bainnse a sin a stigh agus chuireadh e a laidhe ri taobh na mhnatha oig; chuireadh botul agus gloine 'na laimh agus thug e dram do na h-uile duine, fhad 'sa mhair am botul. Bhitheadh deireadh na seachdain ann mu 'm bitheadh a' bhanais seachad.

A' MHAIGHDEAN BHUANA, 'S A' CHAILLEACH BHUANA.

Anns an fhoghair 'n uair a thoisich iad air buain, bha iad a gleidheadh gu curamach a' cheud bheum a ghearradh iad anns an achadh agus ga sgeadachadh a suas gu snasail, le currachd geal, gùn agus

còtaichean air a chur air na casan. Anns an earrach 'n uair a thòisicheadh iad air treobhadh, agus a chuir iad soc a' chroinn anns an talamh airson a cheud sgriob a tharraing, bha iad a toirt an sguab so do na h-eich air cheann, greim an t-aon. Mur an deanadh iad so cha bhitheadh iad fortanach air a' bhliadhna sin. Air eagal gu 'n tigeadh a' chailleach bhuaana air, bha gach tuathanach 's a' bhaile ag obair cho teann 'sa b' urrainn dha los gu 'm bitheadh e ullamh de 'n bhuan roimh 'choimhearsnach. A' cheud fhear a bhitheadh ullamh de 'n bhuan, bha e a ceangail an dlògh mu dheireadh a bh' aige gu teann le bann connlaich, agus a dol a null leis do achadh a choimhearsnaich agus g'a fhagail air a ghàradh, ag radh,—"Sin agad a' Chailleach bhuaana, 'us beathaich i gu Earrach!" O fhear gu fhear bha 'chailleach a dol gus an ruigeadh i am fear a bha air deireadh gu leir, agus dh' fheum esan a cumail, toilichte no diombach.

OIDHCHE SHAMHNA.

Bheir mi dhuibh an so "Oran Oidhche Shamhna" anns am faigh sibh earrann mhath de na cleachdaidhean a bh' aca air an oidhche sin air an cur sios ann am briathran taitneach agus aighearach. Cha'n fhios domh co ùghdair an orain so, ach cha 'n eil teagamh nach robh e fìor-eòlach air na seana chleachdaidhean. Tha mi 'an comain fhìor Charaid-nan-Gaidheal sin, "Fionn," airson an orain so; rannsaich e gu caoimheal a mach an leabhar anns an robh e, agus thug e dhomh leughadh dheth.

ORAN OIDHCHE SHAMHNA.

Air oidhche na Samhain,
Bidh ann, bidh ann,
Buidseachan 's deamhain
Neo-ghann, neo-ghann,
Bidh sìchean le h-aighir
A' marcachd 'san athar,

[TD 191]

[Vol. 6. No. 24. p. 7]

'Sa toirt leò mnathan,
'Us clann, 'us clann.

LUINNEAG.

Seinn uir-ibh-inn o-hò,
Ho-ro, ho-ro,
Nach cluinn sibh a chaileagan,
Fanaibh aig baile,
Mu 'm bi sibh 'nur fanaid
'S 'nur spòrs, 's 'nur spòrs,
Seinn uir-ibh-inn o-hò,

Ho-ro, ho-ro.

Bidh moran de dhaoine
Fuidh sprochd, fuidh sprochd;
'S a' chlann bidh a' caoineadh
Gu goirt, gu goirt,
Bidh mnathan a' glaothaich,
'S cha bhi iad gun aobhar,
'S na sìchean 'gan slaodadh
Do 'n chnoc, do 'n chnoc.

Ged bhios logaidean 's bodaich
Air falbh, air falbh,
Tha 'n oidhche sin sona
Gu dearbh, gu dearbh,
Gheibh fleasgaichean 's caileagan
Brath air an leannain,
Le faisneachd gun mhearachd,
Gun chearb, gun chearb.

Tha mo gheibh sibh a Cheolraidh,
Mo chaill, mo chaill,
A ghleusadh gu ceol,
Is gu dàn, gu dàn,
Chum 's gu 'n seinninn mu 'n ghòraich'
Tha 'measg na cloinn òige,
'S an aois cha 'n eil moran
Ni 's fearr, ni 's fearr.

Bidh fleasgaichean 's cailean
Gun tàmh, gun tàmh,
A' falbh feadh gach baile
'Goid càil, 'goid càil;
Cha bhi gàradh na callaid
Nach leag iad gu talamh,
'S iad a teicheadh leis dhachaidh
Gun nàire, gun nàir'.

'Nuair thig iad leis dhachaidh
Air chrith, air chrith,
Gun cuir iad e seachad
Gun fhios, gun fhios;
Bràigh doruis an tighe,
Mu 'n teid iad a laidhe,
Is bidh e gu latha
Ann an sin, ann an sin.

A' cheud neach thig 'steach
'An ath là, 'an ath là,
Bidh 'na chomhar gu beachd
Air an gràdh, an gràdh,
Is dona na maith air an stoc
Ma bhios blas,
Bidh an urra sin ceart

Na gun stà, gun stà.

Ma leanas ris tobhtag
No pleoc, no pleoc,
Aig an aon sin bidh tochradh
Is toic, is toic;
Ach ma bhios an stoc geocach,
Crom, cam agus crotach,
Bidh an duine nis eolach
'Na chorp, 'na chorp.

Fasan eile tha aca,
Gu dearbh gu dearbh,
Bhi mach feadh nam bailtean
Air falbh, air falbh,
Ag éisdeachd, 's a' farchluais,
Aig dorus gach aitreibh,
'S gur comhar cheud fhacal,
Air ainm, air ainm.

A mach do 'n chruaich arbhair,
Théid iad, théid iad,
'S bidh a' spionadh [?]earbadh
Nan dias, nan dias,
An siol-mullaich ma d[?]halbhas,
Cha bhi ac' ach fa[?] earbsa
Gun d' théid ceilidh leo shearmoin,
Gu sìorruidh, gu sìor.

'S theid feadhain le faicill
Do 'n àthaidh, do 'n àth',
Is bheir iad leò ceirsle
Do shnàth, do shnàth;
G' a tilgeadh do 'n lagan
Tri uairean, 's ga tachras,
Feuch 'n d' théid orra grabadh
Le 'n gràdh, le 'n gràdh.

Cuid eile gheibh ùbhall
Gun fhios, gun fhios,
'S theid iad gu gloin' amharc
G' a ith, g' a ith;
'S chi iad coslais an le[?]ain
'Ga spioladh gu h-[?],
'S 'ga thoirt as an lan[?]
Gu clis, gu clis.

Is tha e do dh-fhasan[?]
Aig cuid, aig cuid[?]
Dol do 'n t-sabhal [?]sgnadh
Le guit, le guit;[?]
'S chi iad samhla n[?]sg
Dol seachad 'na [?]bh,
'S a dol as an t-sea[?]

Na ruith, 'na ru[?]

'S theid fleasgaich [?]itheamh
Nan cruach, nan [?]
'S gun tomhas le '[?]ibh
Mu 'n cuairt, mu[?]irt,
Dh' fhaighinn [?] nan glacaibh
Air a chéile bhios aca;
Sin teichidh iad dhachaidh,
Gu luath, gu luath.

Cuid a thumas an alltan
An léin, an léin,
Far an coinnich trì oighreachdan
Chéile, a chéil';
'S ris an tèin' fad na h-oidhch'
Theid a cur gus am foillsich,
G' a geard tannasg, no taoibhse,
Na dreag, na dreag.

'N sin theid aig an teallach
Air lic, air lic,
Tri chuachagan geala
Do fhiodh, do fhiodh:
Ann an aon bidh uisg' glan,
'San aon eil' uisge salach,
'S an treas fear bidh falamh,
Gun sile, gun sil'.

Theid an sin aon a dhalladh
Gu seòlt', gu seòlt',
'S gu'n teann e 'nan caramh
Le 'chròig, le 'chròig;
Air te thruailt, glan, na falamh,
Ma dh-éireas da amus,
'S e leit sin ni a theannadh
Na chòir, na chòir.

Gheibh iad an sin uachdar
A stòp, á stòp,
'S gu'n dean iad dheth fuarag
'Bhios mor, bhios mor;
Théid a cur ann an cuaich,
Is theid fàine gu luath innt,
'S ge b'e gheibh e tri uairean,
Gu 'm pòs e, gu'm pòs.

(Ri leantuinn.)

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia

Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math
is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's
saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co.,
LIMITED
HULL, CANADA.<gai>

[TD 192]

[Vol. 6. No. 24. p. 8]

Oran Stumachd.

FONN.

Tha 'n truaigh air an uisge-bheatha,
Tha 'n truaigh air 's cha choir i chleth;
Tha 'n truaigh air an uisge-bheatha,

'S dona teth 'us fuar e.
Tha 'n truaigh air an uisge-bheatha.

Am fear a dh' fhasas deigheil air
Bidh dorran aig a cheile dheth;
Bidh 'theaghlach ann an eigin leis,
'S gu 'm bi e fhein na thruaghan.

Tha poitearachd ro eifeachdach
Gu togail leoin 'us eucailean;
Mar sin 's gu milleadh beusalachd
'S e fear gun cheil' bhios suas ris.

Bhi taoghal tigh na grùidearachd
'S cleachdadh nach eil fiughail e;
Am fear le maith bhi biuthasach
Bidh 'chul ri fasan suarach.

Sud an cleachdadh mi-sheal'ach
A fhuair sinn bho ar sinnsearean;
Is dona truagh an dileab e
Cha robh 's cha bhi e buadhar.

Is barail leam gu firinneach
Gur sona fear a dhìobras e,
'S a bhòidicheas nach pill e ris,
'S a dh' fhanas dileas, stuama.

Bheir deoch do bhuadhan reusain uat,
Do chodach ni i reubadh dhìot,
Do chorp theid tur bho fheum leatha,
'Gad thoirt gu leir gu truaighe.

Tha 'n teisteachas so ro-fhirinneach,
'S cho cinnteach ris a bhiobul dhuinn,
Am misgeir truagh nach dibir i
Cha 'n fhaic e sith no suaimhneas.

Na faighinnsa mo dhùrachd dhith
Bhiodh glanadh as an dùthaich oirr',
Reidh misgeireachd a chulachadh,
'S bhiodh cùilean air an sguabadh.

Ach 's eol dhomh cuid a dh' àiteachan
Bho 'n fhuair i buileach bairligeadh,
'S a measg nan ionad adhmhor ud
Tha talla blath na stuamachd.

Taigh Beag mo Mhathar.

Tha mo smuain a ruith 'san am s'
Air na làithibh gasd' a bh' ann,
Nuair a bha mi òg 'sa ghleann

'San robh 'n sluagh 'bu taitneach leam,
Is taigh beag mo mhàthar.

Nuair a ruiginn gleann mo rùin,
'N déidh 'bhith as re greis de dh-ùin',
Gheibhinn fàilt o laimh, 's o ghnùis,
'S o chridh' blath, le àgh 's le mùirn,
An taigh beag mo mhàthar.

Gheibhteadh teine de dh' fhiodh cruaidh,
Chuireadh teicheadh air an fhuachd,
A bhiodh geanail, brisg, gun ghruaim,
'S na chuis-thoileachaidh do shluagh,
An taigh beag mo mhàthar.

Chit' an coire 'brùchdadh ceo,
Deannan tea a tigh'nn o dhòrn,
'S a phoit dhonn gu caoimhneil, còir,
A toirt as duinn brìgh an t-sòigh,
An taigh beag mo mhàthar.

Chìteadh anart geal gun sgòd,
Soithichean cho glan ri òr,
'S gach ni eile, mar bu chòir,
'Dol gu h-innealt air a bhòrd
An taigh beag mo mhàthar.

Chit' air uairean botull bàn,
'Bha 'sa chiste ruaidh 'na thàmh,
Shios fo 'n t-sestall socrach, slàn,
'Tigh'nn am follais air a chlàr,
An taigh beag mo mhàthar.

Bha mi 'n taighean mòra, briagh,
Anns am biodh gach ni a dh' iarrrt',
Ach cha d' fhuar[?] réim leam riamh
'Bha cho blasda ris a bhiadh,
'Bha 'n taigh b[?] mo mhàthar.

Gheibhteadh leab[?]ocrach, réidh,
Lion-anart gun smàl, gun reub,
'S plaideachan de fighe féin,-
Leab' a b' fhearr leam 'bha fo 'n ghréin,
An taigh beag mo mhàthar.

Chluinnt' a chainnt a's momha brìgh,
'Chainnt a labhair gaisgich Fhinn,
Is na diadhairean 'bha 'n I,
'Tigh'nn gu glan o bhilibh binn',
An taigh beag mo mhàthar.

Gheibhteadh eachdraidh shoilleir, reidh,
Mu na gaisgich reachdmhor, ghleusd,
'S mu gach ni air an robh sgeul

Ann an Albainn nam fear treun,
An taigh beag mo mhàthar.

Chiteadh speucla[?]ean air sròin,
Sùilean gorma, [?]mhneil, beò,
Leabhar Dhé a [?]aoi 'na dòrn,
'S i 'toirt as d'a[?]nam lòn,
An taigh be[?] mhàthar.

Chluinnteadh [?] ga cur suas,
Moch is anmoch [?]a b' ann fuar-
Ris an Ti a gha[?]n truas,
'S a chuir Mac [?]h a nuas,
An taigh bea[?]àthar.

Nuair a thig am [?] 's dù,
Is a dhallas e mo shùil,
B'e mo mhiann mo chur 'san ùir
Ann an àite bhiodh car dlùth
Air taigh beag mo mhàthar.

Dh' fhalbh mi o'n taigh an la roimhe. Bha agam ri dhol mu dheich
mile fichead. Bha an rathad làn puill, 's cha ghabhadh an t-each cur
ro luath. Bha 'n latha trom, dorcha, 's na neoil a bagairt uisge.
Thòisich mi air smaointeachadh mu na làithean taitneach a dh'
fhalbh. Cha b' fhad a lean mi air an obair so nuair a fhuair mi mi
fhìn a gabhail crònain. Lean mi air 's leig mi leis an each a bhith
ga threorachadh fein. Bha mi sgriobhadh nan rannan air m' inntinn
mar a bha mi 'gan cur ri 'cheile. Nuair a bha mi deas, sheall mi mu
'n cuairt, 's cha robh fhios agam c' àit an robh mi. Dh'
fhaighneachd mi de dhuine a thachair rium mu 'n rathad a dh'
ionnsuidh an àite gus an robh mi a dol. Thubhairt e rium gu 'm
feumainn tilleadh air ais trì mìle mu 'm faighinn air an rathad
cheart. Cha robh àrach air; b' fheudar tilleadh, agus sgur de bhith
sgriobhadh ann am cheann air an rathad mhor.

CUID-EIGINN.
Nobhember 16, 1897.

AN DA LEIGHEAS
AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>
Leigsidh iad an da Eucail Mhor
CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.
Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.
<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

[TD 193]

[Vol. 6. No. 25. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 17 DESEMBER, 1897. No. 25

Litir o'n Chuairtear.

A CHARAID.—Tha mise rithist air Cladach a Tuath <eng>St. Ann's.<gai>
Tha 'n sluagh ann an so cho còir 'sa tha 'n duthach cho beanntail,
agus duine sam bith a tha eòlach 'san dùthaich, tuigidh e mar sin gu
bheil an luagh còir da-rireabh. Is àite gle fharsuinn <eng>St.

Anns.<gai> Tha còig eaglaisean ann. Bha am paraiste aon uair fo
chùram aon mhinistear, ach tha e nise air a roinn eadar dithis. Tha
'n t-Urr. Calum Mac Leòid 'na mhinistear anns a' Ghut a Deas agus am
Baile nan Gall, agus an t-Urr Iain Friseal na mhinistear air an
Amhuinn a Tuath, an Amhuinn Innseanach agus an Amhuinn Fhrangach.
Tha iad 'nan sluagh a tha gle dheanadach; chuir iad suas eaglais ùr
aig a Ghut a Deas, agus tha iad a' togail te eile aig an Amhuinn
Fhrangach. Ann an coithional Mr. Fhriseil tha iad an deigh mansa mor
bragha a thogail; dh' fhaodadh tu an t-eilean a shiubhal gun a

leithid fhaotainn. Cha shaoileadh tu gu bheil an dùthaich anabarrach beairteach, agus cuiridh na togalaichean briagha so iognadh ort. Is fìor an sean-fhacal a tha 'g radh, "far am bheil toil bidh gnìomh." Tha mi creidsinn gur h-e 's aobhar dh' an t-sluagh a bhi cho math gu bheil na ministearan a toirt deagh eiseimpleir dhaibh ann a bha 'cur a mach an cuid airgeid fhéin gu fialuidh an àm togail 'nan taighean so. Chuala mi fear-teagaisg uair ag radh nach robh dòigh ann air am b'fhusa do Chrìosduidh toirt air daoine eile math a dheanamh na e-fhéin a thoiseachadh agus iarruidh orra-san a dhol a dh' obair còmhla ris. Tha so fìor mu nithean nàdurra agus tha mi creidsinn gu bheil e cheart cho fìor mu nithean spioradail. Tha e na's fhusa daoine tharruinn na tha e an cur gu ni dh'an aindeoin. Na'n tuigeadh luchd-stiùiridh sin na's fhear na tha moran dhiubh a deanamh, bhiodh barrachd soirbheachaidh aca, agus dheanadh iad "sluagh toileach."

Aon oidhche Shathurna o chionn ghoirid, an deigh dhomh a dhol troimh sgìreachd no dha anns nach robh duine ach Goill agus Frangaich, stad mi aig tigh air son an oidhche chur seachad. Cho luath 'sa dh' fhosgail mi an dorus, bha mi cinnteach gu robh gach caoimhneas air an cuirinn feum ri fhaotainn anns an tigh sin, oir air a bhòrd a bhatar a suidheachadh air son na suipearach, bha truinnsear de dh' aran coirce, agus chunnaic mi cuideachd àireamh dhe'n MHAC-TALLA. 'S mise nach robh air mo mhealladh. Rinneadh rium cho math 'sa ghabhadh deanamh, agus chuir mi seachad an t-Sàbaid còmhla riutha gu dòigheil agus bha ar seachas uile gu léir ann an cainnt ar n-athraichean.

Tha seann duine a' fuireach faisg air an àite sin a tha anabarrach geur ann am bruidhinn. Chaidh e aon latha gu tigh coimhearsnaich aig am bheil teaghlach mor de ghillean, agus a' chuid a's motha dhiubh 'nam mhaighisteirean sgoile. Thachair fear de na gillean air an t-seann duine air an rathad dh'ionnsuidh an taighe, agus fhuair e a cheasnachadh. "C'àite 'm bheil Dòmhnall?" ars an seann duine. Dh'innis an gille gu robh Dòmhnall a' cumail sgoile ann an àite nach robh gle fhad air falbh. "Agus càite 'm bheil Iain?" ars an seann duine. Bha Iain a cumail sgoile ann an àit eile. "'S càite bheil Aonghas?" Bha Aonghas a' cumail sgoile cuideachd. "'S càite 'm bheil Alasdair?" Bha Alasdair beagan na b' fhaide air falbh, ach bha e ris an aon obair 'sa bha thriùir bhràithrean a chaidh ainmeachadh roimhe. Bha an seann duine a fàs car searbh dhe na freagairtean a bha e faotainn, agus thuirt e "seadh, dìreach; ach càite bheil do mhàthair a cumail sgoile?" Rinn mi uiread de ghàireachdaich 'nuair a chaidh so innse dhomh 's gu'n do dhìochuimhnich mi fheadrach an d' thug an gille freagairt air a' cheist so, agus mar sin cha'n urrainn mi a radh co dhiu tha no nach eil màthair nan gillean a cumail sgoile. Is mise do charaid,

AN CUAIRTEAR.

A Malagawatch.

Tha 'n samhradh seachad, thainig crìoch air an fhoghar, agus ged a tha 'n geamhradh air tighinn le tomhas de dh' fhuachd 's de reothadh, cha 'n eil daoine 'gearan, oir bha 'm fiar 'sam bàrr gle

mhath. 'S e 'n t-iasgach an obair a's bitheanta tha daoine ris aig an àm so, ach leis cho stoirmeil 'sa bha 'n t-side gu ruige so, cha deachaidh moran éisg a ghlacadh fhathast. B' àbhaist do 'n sgadan a bhi gu math pailt mu 'n àm so, ach tha iad gle ghann am bliadhna. Tha na seann daoine ag radh gur àbhaist do 'n sgadan an Nollaig a chur seachad anns na h-uisgeachan so; mar sin cha 'n eil fhios nach tig iad fhathast.

Tha seòladh 'na obair chunnartach mu 'n àm so dhe 'n bhliadhna. O chionn tri seachdainean air ais, bha bàta thri siùil, anns an robh Uilleam Domhnullach agus Domhnull Mac Rath a tighinn as an Acarsaid Mhoir gu Loch Mhalagawatch, air a ghlacadh ann an stoirm agus air a chur fodha. Bha a' ghaoth leotha gus an d' rainig iad caolas a' Bhoom, 'nuair a thionndaidh i 'nan aghaidh le frasan fuara sneachda, agus thainig aon oiteag a chuir am bàta air a thaobh anns an uisge. Chaidh na siuil fhuasgladh gu 'n dàil, ach cha tigeadh am bàta air ais, agus an ùine gle ghoirid lion e le uisge 's chaidh e dh' an ghrunnd. B' fheudar dh' an dithis aca snàmh mu thri cheud slat mu 'n d' fhuair iad gu tir, agus bha iad air an claidh gu mor. Bu bheag an t-ioghnadh, oir bha còtaichean troma geamhraidh umpa. Feumar iomradh a thoirt air Niall Martuinn a chaidh 'nan coinneamh le scow-bha 'm bàt' aig air falbh aig an àm-agus le cuideachadh a dhithis ghillean beaga, a thug iad gu a thaigh fhéin, far an d' rinn e riutha mar a dheanadh an Deagh Shamaritan.

GILLE.

Dec. 3, 1897.

Litir o Charaid Ur.

A DHEAGH CHARAID.—Chunnaic agus leugh mi da àireamh dhe'n MHAC-TALLA; thugadh dhomh iad le mo charaid, Uisdean Mac Colla, am post-mhaighstir an Strathroy. Bha mi gle bhuidheach dhiubh, agus air leam gu n robh dol agam air an leughadh gle mhath, ged nach do labhair mi cha mhor facal Gàilig o chionn àireamh bhliadhnaichean. Bha mi an dùil gur h-ann a bha i air a dhol bàs gu buileach, ach 'se mo bharaile gu bheil do phaipear-sa an deigh a h-ath-nuadhachadh, agus tha mi an dòchas nach teid i am feasda air diochuimhn', ach gu'm bi i air a labhairt 's air a leughadh le clanna nan Gaidheal anns gach cearna dhe 'n t-saoghal. Tha grunnan math de shliochd nan Gàidheal anns a' chearna so de 'n dùthaich, ach tha moran dhiubh aig nach eil cànan nan daoine o'n d' thàinig iad. Agus tha mi creidsinn gu bheil sin mar sin a chionn nach robh paipear-naigheachd Gàilig anns an dùthaich. Gheibh thu anns an litir so dolar air son bliadhna dhe'n MHAC-TALLA. Cuir g' am ionnsuidh e gun dàil, agus mar sin cuir comain air do charaid,

IAIN MACARTAIR

<eng>Lobo, Ivan P. O., Ont.<gai>

Tha barrachd eaglaisean ann an Astralia a reir àireamh an t-sluaigh 'sa tha ann an dùthaich sam bith eile.

[TD 194]

[Vol. 6. No. 25. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. I.

Ri linn rìgh Haroun Alrashid, air an d' thugadh iomradh roimhe, bha portair bochd ann am Bagdad do'm b'ainm Hindbad. Air latha araidh, an uair a bha 'n t-side anabarrach teith, bha aige ri eallach throm a ghiulan o aon cheann de 'n bhaile gus an ceann eile. Air dha bhith gu sgith a' giulan na h-eallaich, agus astar mor aige ri choiseachd mu'n ruigeadh e ceann a thuruais, shuidh e a leigeadh analach air aon de na sraidean bu bhriagha 'bh' anns a' bhaile. Thachair gu 'n do shuidh e mu choinneamh taighe a bha anabarrach mor, maiseach. Bha 'n t-sràid air a nigheadh air beulaobh an taighe le uisge nan rosan, agus bha faileadh a' bhìdh a bha na cocairean a' deasachadh anns an taigh a' toirt neart dha chridhe.

Bha 'n ceol a b' aille a chuala cluas riamh 'ga chluich 's an taigh; agus bha ceileireadh nan eun boidheach, binn-ghuthach a bha seinn air bharruibh nan craobh, a' togail 'inntinn air a leithid de dhoigh 's gu'n robh e anns an am a' dichuimhneachadh moran dhe gach eis is sgios is saruchadh a bha e 'fulang. Thuig e gu'n robh cuirm shoghail, ghreadhnach a' dol air aghart anns an taigh. O nach b' abhaist dha bhith 'dol troimh 'n chuid ud dhe 'n bhaile, cha robh fhios aige co bha 'fuireach anns an taigh. Thug e 'n aire gu'n robh cuid dhe na seirbhisich am mach 's a steach mu 'n dorus, agus iad ann an eideadh anabarrach riomhach. Dh' fheoraich e dhiubh co bha 'fuireach anns an taigh. Fhreagair fear dhiubh, agus thuirt e, "An e nach 'eil fhios agadsa 's tu 'fuireach ann am Bagdad gur e so an taigh aig Sindbad an Seoladair, am fear-siubhail ainmeil a sheol timchioll an t-saoghail gu leir?"

Chual' am portair roimhe sin iomradh air Sindbad agus air an t-saoibhreas mhor a bh' aige, agus an uair a smaoinich e air cho fìor bhochd 's a bha e fhein, cha b' urrainn e gun fharmaid a bhith aige anns an am ri duine aig an robh saoibhreas ro mhor mar a bh' aig Sindbad. Mar bu mho a smaoinicheadh e air an dealachadh a bh' eadar a shuidheachadh bochd, truagh fhein, agus an suidheachadh anns an robh Sindbad, is ann bu mho a bha de dh' eud 's de dh' fharmaid 's de champar ag eirigh suas 'na inntinn. Thog e suas a shuilean ri neamh, agus thuirt e le guth ard, "A Dhe uile-chumhachdaich, a chruthaich na h-uile nithean, thoir fa near an dealachadh a th' eadar Sindbad agus mise. Tha mise gach latha air mo chlaoidh le obair chruaidh 's le mi-fhortan, agus is gann a theid agam air greim tur, tioram dhe 'n aran a chumail rium fhein 's ri m' theaghlach, am feadh a tha Sindbad a' sealbhachadh saoibhreas ro mhor, agus a' caitheamh a bheatha ann an sogh 's ann an subhachas air nach 'eil crìoch. Cia

mar a thoill mise bhith air mo chur 's an t-suidheachadh through so anns am bheil mi?" An uair a thuirt e so, bhuail e 'chas air an talamh mar gu 'm biodh e air a lionadh le eu-dochas.

An uair a bha 'm portair mar so fo liondubh, thainig seirbhiseach am mach as an taigh, agus rug e air ghairdean air, agus thuirt e gu'n robh Sindbad ag iarraidh air a dhol a steach a bhruidhinn ris. An uair a chuala Hindbad bochd so ghabh e iognadh gu leoir; oir an uair a thug e fa near na briathran gearaineach a labhair e, bha eagal air gur ann gu peanas a dheanamh air a chuir Sindbad fios air. Air an aobhar sin thoisich e ri leithsgeul a ghabhail, ag radh nach fhaodadh e an eallach 'fhagail air an t-sraid. Ach thuirt an seirbhiseach ris gu'n gabhadh e fhein curam dhe 'n eallaich, agus mu dheireadh thug e air a dhol a steach.

Thug an seirbhiseach a steach e do sheomar mor far an robh aireamh mhor shluaigh 'nan suidhe mu'n cuairt air bord na dinneireach. Aig ceann shuas a' bhuird bha leth-sheann duine maiseach air an robh fior choltas coir, siobhalta, agus feusag fhada, gheal air, 'na shuidhe, agus seirbhisich 'nan seasamh laimh ris a chum frithealadh a dheanamh dha. B' e so Sindbad.

An uair a chunnaic am portair na bha de shluagh aig an dinneir mhoir so, ghabh e eagal, agus bha crith air a ghuth an uair a chuir e fault air a' chuideachd. Dh' iarr Sindbad air tighinn air aghart, agus thug e air suidhe aig a dheas laimh aig a' bhord, agus cha bu luaithe shuidh na thug Sindbad le 'laimh fhein dha glaine fhiona. Ghabh e 'dhinnear comhladh ris a' chuideachd.

An uair a bha 'n dinnear seachad, thoisich Sindbad ri bruidhinn ris a' phortair. Dh' fheoraich e dheth co dh' ainm a bh' air, agus ciod an obair a bh' aige.

"Mo mhaighistir, ars' esan, "is e m' ainm Hindbad."

Tha mi gle thoilichte d' fhaicinn," arsa Sindbad, "agus tha mi cinnteach gur math leis a' chuideachd gu leir d' fhaicinn mar an ceudna. B' fhearr leam gu 'n innseadh tu dhomh ciod a bha thu 'g radh o chionn greise air an t-sraid." Chuala Sindbad troimh 'n uinneig a h-uile facal a thuirt e mu'n do shuidh e aig an dinneir, agus b' e sin a thug air iarraidh air a' phortair a dhol a steach.

Ghabh Hindbad iognadh an uair a chual' e 'cheist so, agus chrom e 'cheann, agus thuirt e, "A mhaighistir, tha mi 'g aideachadh gu'n robh m' inntinn troimh a cheile aig an am leis cho sgith 's a bha mi, agus thug sin orm briathran gun tur a labhairt. Tha mi 'n dochas gu'n toir sibh mathanas dhomh."

"Na bi smaointean gu 'm bheil mise cho beag tur 's gu'n gabh mi gu h-olc aon fhacal dhe na thubhairt thu. Tha fhios agam air do shuidheachadh, agus an aite bhith 'faotainn coire dhut air son a bhith gearain, is ann a tha truas agam riut. Ach o 'n a tha beachd mearachdach agad mu m' thimchioll, feumaidh mi do chur ceart. Gun teagamh sam bith tha thu 'smaoineachadh gu 'n d' fhuair mise an

saoibhreas agus an t-socair a th' agam an diugh gun dragh gun trioblaid. Ach tha do bheachd mearachdach. Cha d' thainig mi gu bhith anns an t-suidheachadh anns am bheil mi gun bhith fad iomadh bliadhna 'fulang trioblaid cuirp is inntinn cho mor 's gur gann a chreideadh daoine' e, Seadh, a dhaoine uaisle," ars' esan 's e 'labhairt ris a chuideachd gu leir, "tha mi 'g innseadh dhuibh le firinn gu 'n d' fhuiling mi trioblaidean anabarrach mor, agus gu'n tugadh na tursan-cuain a ghabh mi a chum an saoibhreas a th' agam a chur cruinn a mhisneach o 'n duine a's sanntaiche a tha 'n diugh beo air an talamh. Is docha nach cuala sibh cunntas cheart mu na driodartan iongantach agus na cmnartan mora 'thachair rium re nan seachd tursan-cuain a ghabh mi; agus o 'n a tha 'n cothrom agam a nis air an innseadh, tha mi toileach mion-chunntas a thoirt dhuibh mu'n timchioll. Cha 'n eil teagamh agam nach taitinn mo naigheachd ribh."

An uair a dh' eug m' athair, dh' fhag e cuid mhath de shaoibhreas agam. An uair a bha mi og, gorach, chaith mi an earrann bu mho dheth gun fheum sam bith dhomh fhein no do dhaoine' eile. Mu dheireadh thug mi 'n aire gu 'n robh mi 'dol fada cearr, agus thug mi fa near nach maireadh beairteas ach uine ghoirid mur tugadh daoine an aire mhath dha. Thug mi fa near mar an ceudna gu'n robh mi 'cur seachd na h-uine gun fheum, agus nach 'eil ni anns an t-saoghal cho luachmhor ris an uine 'thug Dia dhuinn a chum feum a dheanamh dhith. Chuimhnich mi air na briathran a labhair Solamh, agus a chuala mi gu tric aig m' athair, Gur e am bas a's fhasa fhulang na fior bhochdainn. An uair a ghabh mi le curam beachd air na nithean so, chruinnich mi gach ni a bh' agam agus reic mi e ris an fhear a b'airde tairgse. Chuir mi mo chomhairle ris na marsantan bu ghlice a bh'anns a' bhaile, agus thuirt iad rium nach robh doigh air am b' fhearr a dheanainn beairteas na falbh air long comhladh ri marsantan eile gu ruige na rioghachdan thall, agus reic is ceannach a dheanamh. Chaidh mi gun dail sam bith do Bhalsora, agus thuarasdalaich mi fhein agus marsantan eile long eadrainn. An uair a luchdaich sinn i leis gach seorsa bathair a b' fhearr a shaoileamaid a gheibheadh reic, sheol sinn gu ruige na h-Innsean an Ear.

Bha mi gle thinn le tinneas-mara fad beagan laithean an deis dhuinn seoladh; ach ann an uine ghoirid cha chuireadh an tinneas-mara dragh sam bith orm.

Thaghail sinn ann an caochladh eileanan air ar turus, agus reic sinn cuid dhe 'n bhathar.

Air latha araidh 's gun deo shoirbheis againn thug sinn an aire gu 'n robh eilean beag, comhnard faisge oirnn, a bha a reir choltais fo fheur goirid, gorm. Thug an

[TD 195]

[Vol. 6. No. 25. p. 3]

sgìobair ordugh na siuil a phasgadh, agus thug e cead do gach aon a

thogradh a dhol car uine do 'n eilean bheag so. Chuireadh am mach am bata-fada, agus chaidh mi fhein agus aireamh mhath dhe 'n luchd-turuis a bh' air bord innte, agus dh' iomair sinn thun an eilean. Thug sinn leinn biadh is deoch, agus connadh gus teine fhadadh air an eilean. An uair a dh' fhadaidh sinn deadh theine agus a bha 'm biadh a thug sinn leinn air a dheasachadh, shuidh sinn aige. Mu 'n robh sinn ullamh dhe ar biadh thoisich an t-eilean ri dol air chrith fo 'r casan. Thug an fheaghainn a bh' air bord an aire mar an ceudna gu 'n robh an t-eilean ri dhol air chrith, agus ghlaodh iad ruinn sinn a thilleadh gu bord cho luath 's a b' urrainn duinn ar neo gu 'm biomaid caillte. Ged a bha sinn an duil gur ann air eilean a bha sinn, is ann a bha sinn air druim muice-mara a bha anabarrach mor.

A h-uile fear bu luaithe na cheile, thug e am bata-fada air; shnamh cuid eile air falbh; ach mu 'n d' fhuair mise falbh bhar druim na muice-mara chaidh i fodha, agus gu fortanach fhuair mi greim air sgonn de 'n fhiodh a bh' againn air son an teine fhadadh.

An uair a shaoil leis an sgiobair gu 'n robh gach aon dhe na chaidh thun an eilean air bord aige, ghrad rinn e deiseil gu seoladh air falbh. Eadar an t-eagal a ghabh iad agus a' chabhag a bh' orra, cha d' ionndrainn aon seach aon aca gu 'a robh mise 'g an dith. Anns an am thainig soirbheas fabharrach, agus ann an uine ghoirid chaidh an long as mo shealladh.

Bha mise mar so air bharruibh nan tonn fad latha 's oidhche, agus bha mo dhiol agam mi fhein a chumail an uachdar. An la-iar-na-mhaireach bha mo neart air mo threigsinn cho mor 's gun d' thug mi duil thairis dhe mo bheatha. Ach gu fortanach thug an sruth mi fhein 's am maide air an robh greim agam a dh' ionnsuidh eilean, agus chuir na tonnan air tir mi.

Bha cladach an eilean cho cas 's cho ard 's gu 'n do theab nach fhaighinn a dhireadh idir; ach thachair gu 'n robh freumhan is meanglain nan craobh a bha 'fas air bruaich a' chladaich cho laidir 's gu 'n do chum iad rium fhad 's a bha mi direadh gu h-eigionnach suas gu talamh glas.

(Ri leantuinn.)

Innsean na h-Airde 'n Ear.

B'e latha grianach, aghmhor a dhealruich air <eng>India<gai> an uair a thainig crìoch gu brath air ughdarras na cuideachd a bha 'giulan malairt air aghaidh agus a' cosnadh moran airgid eadar Breatunn 'us <eng>India<gai>. Tha iomadh teaghlach beartach 'us mor-chuiseach an diugh, oir tha saoihbreas mor aca do bhrìgh gu buineadh aon no dha de 'sinnsirean do 'n chuideachd ud, agus gu d' fhuair iad cuibhrionn nach robh beag no suarach de 'n òr 'us de 'n airgid a thug malairt <eng>India<gai> do na Breatunnaich. Is ann le aighear 'us le toileachas sonruichte a chuala gach Innseanach stolda, glic ann an 1858, gur e 'Bhan-rìgh Bhictoria, a' Bhan-Iompaire cheanalta, churamach, cheart a bha 'dol a rioghachadh thar rìghrean, 'us

feachdan, 'us miltean <eng>India<gai> 'na dheigh so. Cha tig an latha gu brath anns an teid ann an dichuimhne an t-aramach borb, bruideil, fuileachdach a thachair mu 'n do ghabh a' Bhan-rìgh i fein os laimh cuisean 'us rioghachdan <eng>India<gai> a' stiuireadh agus a' chumail ann an ordugh seasmhach, suidhichte, laidir, ceart. Is maith a bha fios aig na ceannardan calma, dealasach, aig Morair Chluaidh, aig Morair Strathnairn, agus aig iomadh saighdear foghainteach eile, gu robh uachdaranachd Bhreatunn ann an <eng>India<gai> ann an staid bhoichd, fhann, chunnartach. Nochd iad gaisge fuasach agus trreubhantas anabarrach ann an ciosnachadh nan rìghrean 'us nan saighdearan a rinn ceannairc co eagalach. Chuir Morair Strathnairn (an Rìdir Eoghann Rose) gu dalma an cath tri uairean ann an aon latha, 'us thug e buaidh tri uairean air an latha cheudna. Bha 'ghrìan a' frasadh a nuas a gathannan loisgeach, agus bha 'bheatha ann an cunnart uamhasach. Dhoirt e uisge gu pailt air a cheann, 's air a chorp mar an ceudna, agus air an doigh so, bha e 'na chomas tri blair a ghleachd le 'shaighdearan dileas, tapaidh ann an aon latha. An deigh do 'n aramach 'us do 'n aimhreit mhosach, chraiteach a bhi seachad, bha na Breatunnaich furachail gu leoir re iomadh latha, oir cha b' urrainn iad muinghin a chur ann an sluagh a rinn gun aobhar ceart air bith, aramach co cealgach, co ceannairceach 'us co caillteach. Shoirbhich le <eng>India<gai> gu maith 'us gu ro-mhaith o'n thainig i fo riaghladh dìreach na Ban-rìgh Bhictoria. Cha bhris aramach a rìghist a mach ann an cabhag. Tha luchd-riaghlaidh na dùthcha gu leir faicilleach 'us suileach air chor 's gu bi amharus trath aca air gach othail, 'us upraid, 'us ceannairc a bhitheas a' bagradh dragh a dheanamh. Thug na Breatunnaich mìle beannachadh do dhùthaich <eng>India<gai>. Tha ceartas 'us ionracas air an nochdadh 'us air an cumail suas gu duineil, firinneach anns gach cearna tuath 'us deas de 'n dùthaich fharsuing so, leis gach sluagh lionmhor a tha 'ga h-aiteachadh. Cha 'n eil a chridhe aig rìgh borb air bith an claidheamh a tharruing, agus a shathadh ann an amhach a choimhearsnaich. Tha e fìor gu bheil rioghachdan ann an <eng>India<gai> 'tha fathast, ann an tomhas mòr bho ughdarras an rìghrean fein. Tha duine glic, teoma, seirbhiseach dileas do Bhreatunn, daonnan a lathair ann am baile mòr nan rìghrean so, agus tha e min-eolach air gach nì 'tha tachairt aig cuirt 'us a measg luchd-comhairle nan rìghrean so. Feumar cead Bhreatunn iarraidh, agus a toil mar an ceudna, mun urrainn rìgh air bith gnìomh mòr no ardanach a ghabhail os laimh. Do na rìghrean a tha fo ughdarras Bhreatuinn gu buileach, tha 'n luchd-riaghlaidh a' toirt suim mhoir airgid anns a' bhliadhna, agus tha na rìghrean so toilichte le 'n neamhnuidean dealrach, boillsgeach, ged nach eil aca cumhachd air bith. Tha rathaidean-iaruinn a bhos 'us shuas air feadh na dùthcha 'nis. Tha eolas 'us innleachdan na Roinn-Eorpa gle chumanta ann an <eng>India<gai>. Tha sgoilean 'us oil-thighean anns gach cearna de 'n tìr, agus is maith a's aithne do na h-Innseanaich Beurla chruaidh, ghlan, ghrinn a labhairt. Tha sonas 'us comhfhurtachd air nach robh eolas aca riamh roimhe, aig luchd-aiteachaidh <eng>India<gai>. Is caoimhneil agus is faoilidh a thug an luchd-riaghlaidh, aire do na daoine boichd a bha 'fulang ocrais eagalach o'n bha gort muladach 'nam measg. Anns na linntean a dh' fhalbh an uair a thigeadh gort, gheibheadh miltean bas duaichnì, oir cha robh e comasach comhnadh a dheanamh leo no biadh a thoirt g'an

ionnsuidh, air an àm iomchuidh. Tha iomadh rathad-iaruinn 'us sruth-chlais air feadh na dùthcha 'chuir sgil 'us airgiod Bhreatunn ann an uidheam. Tha mar so toradh nan achaidhean air a mheudachadh gu mor. Tha beartas iomadach na dùthcha gu leir air fhosgladh suas. Le innleachd 'us dichìoll cliuichteach, shoirbhich le Albannach measail ann an uisge 'thabhairt bho dhruim corrach, ard nan cnoc ann an airde deas <eng>India<gai>, a chum taisealachd a ghiulan do ionadan tioram anns an airde 'n ear. Rinn e sruth chlais leathunn, dhomhainn air mullach nan cnoc, agus mar so thug e air pailteas uisge slighe uir a ghabhail, agus snuadh urail, boidheach a chur air mìle learga 's comhnard aig am bheil talamh briaghmhor, trom. Tha rìghrean <eng>India<gai> gle thaingeil, mar is coir doibh, gu bheil iad a' mealtuinn sìth 'us tearuinteachd co luachmhor fo chumhachd Bhreatunn agus fo riaghladh na Ban-Iompaire Bhictoria. Cha 'n eirich iomradh air cogadh no air aimhreit air bith anns an airde 'n ear, gun dearbhadh gasda 'dhusgadh suas air cia co cairdeil do Bhreatuinn 's a tha rìghrean <eng>India<gai>, 'us cia co toileach 's a tha iad air cuideachadh treun a thoirt do Bhreatunn le 'n daoine, le 'n saighdearan, 'us le 'm maoin, anns gach connspuid 'us cogadh a dh' fhaodas briseadh a mach.

CONA.

Tha Iapan a' cur roimpe loingeas chogaidh mhath a bhi aice. Tha i 'dol a chosg coig muillein fichead punnd Sasunnach ann an togail shoithichean re nan coig bliadhna ri tighinn. Ma leanas an dùthaich so roimpe, cha'n fhada gus am bi i cho cumhachdach ris a chuid a's motha de rioghachdan na Roinn-Eòrpa. 'S mor an t-eadar-dhealachadh a tha eadar i-fhein agus Sina.

Thatar a nise cinnteach nach eil gorta ri bhi ann an Eirinn air a bhliadhna so idir, mar a bha 'san ainm toiseach a' gheamhraidh. Chaidh am buntata 'nan aghaidh gu mòr, agus faodaidh biadh a bhi gle ghann ann an cearnan, ach cha'n eil eagal sam bith gu'm bi gorta ann.

[TD 196]

[Vol. 6. No. 25. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia mìosan,50

Tri mìosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 17 DESMBER. 1897.

Bha 'san ainm an toiseach gu'm b' Eirionn- am piobaire a chluich air a phiob aig <eng>Dargai Ridge<gai> do na Gaidheil Ghordanach an deigh dha bhi air a leòndadh 'na dha chois, ach cha robh an sgeul sin ceart. Is Albannach e a fhuair a bhreith us 'arach ann an Turriff, an siorrachd Abaraidhean, far an robh athair 'na thuathanach agus 'na mhuillnear. Is ainm dha Findlater. Rinneadh an ceart ni 'sa rinneadh leis-san, o chionn cheithir fichead bliadhna 'sa deich air ais le Stiùbhartach a bha piobaireachd do na Gàidheil ann am blàr Vimiera, 'nuair a bha Bonaparte a feachainn ris an Roinn-Eòrpa a chur fodha fhéin. Chaidh a leòndadh gu dona anns an t-sliasaid, ach a dh' aindeon sin, shuidh e air bruaich, agus lean e air cluich na pioba gus an robh am blàr seachad. "Cha'n urrainn mi, 'illean, a dhol g'ur cuideachadh ris an t-sabaid," ars esan ri chompanaich, "ach fad 's is urrainn domh, cha bhi dith ciùil oirbh." Chaidh piob eireachdail a thoirt do'n ghaisgeach so, an deigh dha tigh'nn dhachaidh, leis an t-seann Chomunn Ghàidhealach.

Thug fear Tomas Lenehan, seann tuathanach ann an Lunenburg ionnsuidh air a bhean a mhort air an t-seachdain s'a chaidh. Thug e dha no tri bhuillean dhi le tuaigh 'sa cheann, 'ga gearradh gu h-eagallach. An deigh sin bha e 'dol a ghabhail dhi le sgian, ach thainig a mhic a stigh 's rinn iad greim air. Tha e nise anns a phriosan, a feitheamh cùrtach; tha e tri fichead bliadhna 'sa deich a dh' aois. Tha a bhean bhochd ann an suidheachadh gle chunnartach.

Chaidh fear Iain Boutillier a mharbhadh anns a Mhèinn a Tuath Di-haoine s'a chaidh le torr claiche a thuit air 'se aig obair. Cha robh e beò ach uair an deigh a thoirt as. Dh' fhàg e bean agus teaghlach lag. Chaidh duin' eile a ghoirteachadh gu dona an latha sin, ach theid e am feabhas.

Bha trioblaid nach bu bheag eadar Seanalair Gascoigne, ceannard airm Chanada agus aon no dha dhe na réiseamaidean a tha fodha. Chaidh na bh' eadar e-fhein us réiseamaid a th' ann a Halifacs a réiteach, ach bha a' chùis cho teith eadar e-fhein us cuid de dh' oifigich na réiseamaid Ghàidhealaich ann am Montreal 's gu'n do chuir e an Còirneal Strathy, ceannard na réiseamaid, á dreuchd. Bha Strathy 'na dheagh oifigeach, agus 's ann dha a bhuineas an cliù an réiseamaid a bhi cho math 'sa tha i. Tha moran dhe'n t-sluagh duilich gu'n d' thanaig air a fàgail.

Chaidh tagradh a chur a dh' ionnsuidh na Ban-rìgh'nn o chionn ghoirid le muinntir na h-Alba a' cur an aghaidh a chleachdaidh a th' aig moran de na Sasunnaich a bhi 'g ainmeachadh gach ni Breatunnach air Sasunn. Mar a's trice 'se a' Phàrlamaid Shasunnach, an t-Arm Sasunnach, agus Ban-rìgh Shasunn, a their iad an àite a' Pharlamaid Bhreatunnach, an t-Arm Breatunnach, agus Ban-rìgh Bhreatunn, mar bu chòir dhaibh. Tha 104,647 ainm ris an tagradh, agus tha am paipear air am bheil e air a sgrìobhadh corr us tri chairteil mìle a dh' fhad.

Dh' fhalbh fear Napoleon Au Coin, a mhuinntir Cheticamp, a bha 'cumail sgoile aig <eng>Meat Cove,<gai> gu dhol dhachaidh seachdain gus an Di-mairt s'a chaidh. Bha e air a threòrachadh tarsuinn an dùthaich troimh 'n choille le dithis dhaoin' eile, Iain agus Domhnull Friseal. 'Nuair a bha iad mu thri chairteil an turuis thuit Au Coin marbh, 'se air a bhualadh le tinneas a' chridhe. Cha robh e ach 24 bliadhna dh' aois, agus dh' fhàg e bean us aon duine cloinne.

Chaidh Lyman Dartt fhaotainn ciontach de bhàs a' cheannaiche Armenianich, agus tha e ri bhi air a chrochadh air a cheathramh latha dhe'n Mhàrt. Cha'n eil teagamh sam bith nach e a mharbh an duine, ach cha'n eil aobhar sam bith ri fhaicinn air son e 'ga dheanamh, agus 'si bharaill chumanta nach robh 'na bheachd a mharbhadh idir. Cha'n eil teagamh nach leigear a bheatha leis fhathast.

Di-mairt s'a chaidh chaochail an <eng>senator<gai> Eoseph O. Arsenault aig a dhachaidh ann a' Wellington, E. P. I., aig aois tri fichead bliadhna 'sa naodh. Bha e tinn o chionn àireamh mhiosan. Bu Fhrangach e, agus bha e ri ceannachd. Bha e anns an t-seanadh o chionn còrr us fichead bliadhna, agus bha e roimhe sin àireamh bhlaidhnaichean am pàrlamaid an Eilean fhéin.

'Si 'n urra 's sine tha air chomas a bhi dol dh' an eaglais ann an Alba Mrs Miller a tha fuireach an Glascho agus a tha ceud bliadhna 'sa dha a dh' aois. Rugadh i ann an Kenmore 'sa bhliadhna 1795, agus faodar a radh nach robh i tinn riamh. Cha'n eil cuimhn' aic air aon latha Sàbaid a chur seachad gun a bhi san eaglais. Cha do dh' òl i ach gann deur de stuth-làidir riamh.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers,<gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.

Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 197]

[Vol. 6. No. 25. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Ma tha thu air aon gibht Nollaig a thoirt do aon de d' chàirdean a
bhios a' toirt toil-inntinn dha fad na bliadhna s'a tighinn, cur
uige am MAC-TALLA.

Tha moran sneachda air tuiteam ann an Ontario 's an Cuibeic ged a
tha sinne an so gun a bheag sam bith fhaicinn o'n thanaig an
geamhradh. Tha deigh air tigh'nn air na lochan ann an caochladh
àitean, ach cha 'n eil i fhathast air a meas gle shàbhailte leis cho
tric 'sa tha 'n t-side 'g atharrachadh.

Tha sinn an dòchas nach dean iadsan nach do phàigh am MAC-TALLA
dearmad air an t-airgead a chur g'a ionnsuidh eadar so us latha na
Bliadhn' Uire. Mu 'n àm so 'n bhliadhna bidh moran airgeid againn ri
phàigheadh a mach, agus tha sinn an dòchas gu 'n cuir ar càirdean e
'nar comas a chuid fhéin a thoirt do gach neach.

Tha ceud 'sa dha a dol do Sgoil nan Dall ann a' Halifacs air a' gheamhradh so. Tha tri fichead dhiubh sin a mhuinntir Nobha Scotia, seachd air fhichead a mhuinntir <eng>New Brunswick,<gai> sianar a mhuinntir Eilean a' Phrionnsa agus naodhnar a mhuinntir <eng>Newfoundland.<gai> Is gillean tri fichead 'sa coig de na tha 'sa sgoil, agus nigheanan seachd deug air fhichead.

Aig a Phlaister, Baddeck, air an t-siathamh latha deug de Nobhember, chaochail Fionnladh Mac Leoid, tri fichead bliadhna 'sa h-ochd deug a dh' aois. Chaidh a ghoirteachadh le sgiorrachd toiseach <eng>October<gai>, ann am Baddeck, far an deach e dh' fhaicinn an Ard-Riaghladair, agus cha d'fhuair e os cionn a ghoirteachaidh sin. Bha e 'na dhuine air an robh meas mor aig na h-eòlaich uile, agus thaisbean iad sin air latha 'n tiodhlacaidh. Lean àireamh mhor sluaigh an giulan dh' ionnsuidh na h-uaghach.

Chaidh gille òg a mharbhadh leis na carabid-iaruinn ann a <eng>Westville, N. S.,<gai> air an t-seachdain s'a chaidh. Bha e-fhéin us gille eile a dol tarsuinn air an rathad le cairt 'nuair a thainig na carabid orra. Chaidh am fear eile a ghoirteachadh ach cha bhi dad air an ùine ghoirid. Chaidh corp a' ghille chaidh a mharbhadh a mhilleadh gu dona. Cha robh e ach ceithir bliadhn' deug a dh' aois, agus b'e an aon mhac a bh' aig athair, Donnachadh Mac Ghriogair. Tha e coltach nach eil a' chuid ud de 'n rathad air a gheard cho faiceallach 's bu chòir dha bhi.

Chaidh paidhir shocsaichean a shealltuinn dhuinn an la roimhe a bha air am fighe le Mor Nic Neill, a tha fuireach aig a' Phòn Mhor, agus a tha mu cheud bliadhna dh' aois. Chuir i iad mar ghibht gu Domhnull Mathanach, (marsanta), anns a bhaile so. 'S i 'm boirionnach còir so màthair Iain Mhic Nèill a tha 'na fhear-ceartais aig a Phòn Mhor. Tha i 'na bantraich o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean, agus ged a tha i cho sean, tha i fhathast gu slàn 's gu tapaidh, agus cho comasach air fighe stocainn no obair aotrom mar sin a dheanamh 'sa bha i an laithean a h-òige.

Bha an togalach ùr aig Comunn nan Daoin' Oga air fhosgladh air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha seirbheis ann a h-uile oidhche a chuid bu mhotha dhe 'n t-seachdain. Bha an t-Urr. Mr. Gordon á Boston, a' labhairt aig gach coinneamh. Tha na gillean a nise air an roinn 'nan da bhuidheann, 's a feuchainn co 'n taobh a gheibh an àireamh a's motha gu dhol a stigh ris a' Chomunn romh 'n ochdamh latha fichead dhe 'n mhios. An oidhche sin bidh suipear aca anns an talla bidh an da bhuidheann aig an aon bhord; aig an taobh a fhuair an àireamh bu mhotha, bidh gach biadh a's fhearr na cheile, agus aig càch bidh aran us uisge no lite 's bainne.

Rànaig duin' òg a mhuinntir <eng>Newfoundland Victoria, B. C.,<gai> an la roimhe, 'se air tilleadh as a Chlondaic le tri fichead mìle dolair. Tha e air falbh á eilean a dhùthchais o chionn da bhliadhn' deug, agus chuir e'n da bhliadhna mu dheireadh seachad anns a' Chlondaic.

Bidh na sgoilean a dùnadh Dior-daoin s'a tighinn, an treas latha

fichead, air son na Nollaig 's na Bliadhn' Uire, agus a' fosgladh a rithist air Di-luain, an deicheamh latha de Ianuaraidh, Tha na sgoilearan mar sin a faighinn latha bharrachd air na b' àbhaist dhaibh, agus 'se ar barail nach misde leotha sin idir.

Thachair sgiorradh uamhasach ann am muileann siùcair, an Dartmouth, feasgar Di-satharna, an ceathramh latha dhe 'n mhios. Bha fear Albert Boutilier air a ghlacadh leis an inneal-smùide, agus air a mharbhadh. Bha a chorp air a reubadh gu h-eagalach. Cha 'n eil fhios ciamar a thachair e dha oir bha e leis fhein aig an àm. Bha e coig bliadhn' deug air fhichead a dh' aois, agus dh' fhag e bean us dithis chloinne.

Di-haoine s'a chaidh bha Alasdair Ceanadach, an Amhuinn Dhennis, a siubhal na coille ag iarraidh chaorach a bh' air chall air, agus gu mi-fhortanach chuir e 'chas ann an trap a bha mach aig cuid-eigin air son a mhadaidh-ruaidh. Ann an tiotadh fhuair e e-fhéin an crochadh air chois eadar an talamh 'san t-adhar mu choig troighean o'n làr. Cha deach innse dhuinn ciamar a chaidh fuasgladh air, ach fhuair e as gun dochann sam bith.

Dh' fhalbh soitheach-smùide a Halifacs deireadh na seachdain s'a chaidh, air a turus gu ruige 'n t-seann dùthaich, le tri cheud tunna de dh' eòin-cearcan, geòidh, tunnagan agus cearcan-frangach, agus tha tuilleadh ri falbh fhathast. Tha iad ri bhi air an creic ann an Lunnainn 's am bailtean mor' eile Shasuinn, agus ri bhi air an ithe aig am na Nollaige 's na Bliadhn' Uire. Tha Canada air tòiseachadh ri bhi 'creic 'sa ceannach moran a bharrachd air na b' abhaist dhi ann am Breatunn, agus cha'n eil teagamh nach dean sin an da dhùthaich a tharruinn na 's dluithe air a chéile, ni a bheir toileachadh nach beag d' an t-sluagh taobh air thaobh.

Iadsan a Phaigh.

Donnachadh Mac Fhionnlaidh, <eng>L'Ardoise<gai> Iseal.

Alasdair Mathanach, Sidni.

Iain Mac Ille-mhaoil, Braigh Ghrand Mira.

Seumas Mac Coinnich, Gleann nam Piobairean.

Bean Dhonnachaidh Mhic-an-t-Saoir, Loch Mhic-an-t-Saoir.

Iain E. Mac Leoid, <eng>Ingonish.<gai>

Gilleasbuig Mac-a-Bhiocair, <eng>Catalone.<gai>

Domhnull Mac Iomhair, <eng>Port Morien.<gai>

A. I. Mac Coinnich, Eilean <eng>Christmas.<gai>

Eoseph I. Domhnullach, Meinn Bhictoria.

50c

Cailean F. Johnston, na h-Eileanan Dearga.

25c

Niall MacGhuair, Amhuinn Beag, <eng>Newfoundland.<gai>

Minnie I. Nic Ille-mhaoil, <eng>Botson, Mass.<gai>

\$2.00

Padruig Mac Fhionghain, <eng>Earlswood, N. W. T.<gai>

Raonull Mac Eachuinn, <eng>St. Andrew's, N. W. T.<gai>

Tomas F. Caimbeul, <eng>Sandon, B. C.<gai>

50c

Coinneach M. Mac-a-Ghobha, <eng>Port Coldwell, Ont.<gai>
Domhnall Mac-an-Tòisich, <eng>Dalkeith, Ont.<gai>
Iain Mac Artair, <eng>Loba, Ivan P. O. Ont.<gai>
Iain Mac-a-Mhaighstir, an Lagan, Ont.
Bean Dhomhnuill Chaimbeil, Dunbheagain, 50c Ont.
Bean Ruairidh Mhic Rath, <eng>Brodie, 50c Ont.<gai>
Uilleam D. Camaran, <eng>Fraser Mills, N. S.<gai>
Domhnall Boyd, <eng>Fraser Mills, N. S.<gai>
Bean Mhurchaidh Mhic Leoid, <eng>Kinross, E. P. I.<gai>
Donnachadh Mac Fhionnlaidh, Braidalbainn, E. P. I.

Ma rinneadh dearmad air neach sam bith ann a bhi 'cur nan ainmean anns a phaipear o àm gu àm, thoirleadh iad fa-near fios a chur ugainn gun dàil, a chum gun teid a' chùis a cheartachadh.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.
Brogan matha saor.
Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35
Orain Iain Luim

.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 198]

[Vol. 6. No. 25. p. 6]

Seana Chleachdaidhean Gaidhealach.

LE IAIN MAC 'ILLEATHAIN.

(Air a leantuinn.)

ORAN OIHCHE SHAMHNA.

Bonnach saluinn, na sgadan
'Bhios goirt, 'bhios goirt,
Gun ith iad le cabhaig,
'S le 'n toil, le 'n toil;
Chum 's gu 'm faic iad an leannan
('N uair theid iad do'n leabaidh)
Tigh'nn do'n ionnsuidh fuidh mhaduinn
Le deoch, le deoch.

O! 'sann their iad nach bi
Buaidh, bi buaidh,
Mur dian iad gach diachainn
Tri uairean, tri uair';
"An aghaidh na Trianaid,
'S Tri Pearsa na Diadhachd,"
O! nach iad tha nam fiath-bheath'chean
Truagha, truagh?

'Nis sguiream do m' òran 's
Do m' dhuan, do m' dhuan,
'S a dh' innseadh mu ghòraich
An t-sluaigh, an t-sluaigh;
Gheibh gach urra ri phòsadh,
An neach tha san òrdugh,
'S cha chum duine 'san Eòrp',
E bhuap, e bhuap.

Seinn iur-ibh-inn o-ho,

Ho-ro, ho-ro,
Seinn iur-ibh-inn o-ho,
Ho-ro, ho-ro,
Nach cluinn sibh a chaileagan
Fanaibh aig baile;
Mu 'm bi sibh 'nur fanaid
'S nur spòrs, 'nur spòrs,
Seinn iur-ibh-inn o-ho,
Ho-ro, ho-ro.

Tha dochas agam nach 'eil mi 'g ar sàrachadh, ach ma tha sibh a fàs sgith dhìom cha 'n 'eil agaibh ach bruidhinn a mach agus gu 'n dàil ni mi suidhe. Bheir mi nis cunntas air mar a bha na Gaidheil ag cumail na bliadhn' ùir anns an t-sean àm.

OIDHCHE NA CALLUINNE AGUS LATHA NA BLIADHN' UIR.

Air oidhche na Calluinne, bha 'n tigh air a ghlanadh, an luath air a cur a mach, uisge glan air a thoirt a stigh, na cearcan agus tunnagan air an glanadh 's air an spionadh, agus a h-uile ni a bha ri dheanadh airson latha na bliadhn' ùir, deànta, mu'n tigeadh dà uair dheug. Bha 'm bord air a chomhdachadh le linn-aodaich geal, snasail, a bha iad ag gleidheadh a thaobh airson latha feille sam bith a bhitheadh aca', aran coirce, ìm 'us càise air a bhòrd, 's gun ghainne air Mac-na-braiche. Mu dhà uair dheug shuidh an teaghlach a ghabhail na Calluinne. Mu 'n robh am biadh seachad, chualas farum fear-na-seiche 'tighinn. Chaidh fear-na-seiche 'us a luchd-leanmhuinn tri uairean deiseil an taighe, stairirich nan caman air an t-seiche chruaidh a toirt mac-talla as na creagan, 'us na gillean ag glaothadh "A Challuinn, a bhuilg, bhuidhe, bhoicinn, buail an craicionn air a bhoicinn!" An treas uair a ràinig iad an dorus, dh-fhosgladh an dorus, ach cha d' fhuair iad a stigh gus an d' aithris fear na seiche Rann na Calluinne.

"Chaidh mi timchioll an taighe,
'S bu sin timchioll mo chriche;
Thuit an coille, thuit an troille,
Thuit an cliath-liad anns an dorus,
'S thug iad gling-gling air m' eanchainn.
Leag na coin mi anns a' pholl
'S thug iad sgeannas ùs mo thàr,
'S b' fhearr leam urad sùil cudainn de dh-ìm,
Na cudthrom mo chinn de 'n òr.
Is mise Calum ruadh a thainig a nuas as a' mhonadh,
'S mu 'n gabh mi tuillidh de m' dhuain,
Fosglaidh gu luath an dorus.
Cha 'n eil fuath agam air càis,
'S cha 'n eil fuath agam air ìm,
'S an deur beag ud anns a' bhuideal'
Tha mo shlugan air a thì.
Eirich thusa, a bhean òg, 's a bhean chòir, a choisinn cliù,
'S bi gu somalt' mar bu dual,
Us liobhair bhutit a' Challuinn dhuinn:

A' mhullachag air am bheil an aghaidh réidh,
'S am fear nach do bheum sùil,
'S mur 'eil an tuillidh gad chòir,
Fóghnaidh aran 'us feòil dhuinn."

An sin dh-iarr bean-an-taighe orra tighinn a stigh, agus chaidh iad a stigh, gach fear 's a bhotul na dhòrn, agus sguab-dhoirce ann mar chorc, a h-uile fear mar a bha e tighinn a stigh. "Tha mo Challuinn ort, a bhana-charaid!" Chaidh an t-uisge-beatha mu 'n cuairt, agus dh-ol iad air a cheile—"Bliadhna mhath ùr dhut, 'us moran dhiu, a latha chi 's nach fhaic, gum a fada beo thu, 's ceò as do thigh!" Thug iad fear an taighe leotha a's dh' dh-fhalbh iad do 'n ath thigh 'us rinn iad a cheart ni a sin, agus mar sin gus an deach iad thairis air a h-uile tigh 's a bhaile. Bha e mar chleachdadh aca gur e a chiad bhiadh a ghabhadh iad air maduinn na bliadhn' ùir, cabhruich 'us bainne milis, agus leis a so a dheanadh bha iad a toirt orra-fheinn a chreidsinn gu 'n cumadh e air falbh bhuapa, fiabhrus, no trioblaid sam bith eile de 'n t-seorsa sin, fad na bliadhna. An deigh dha 'chuid de 'n chabhruich a ghabhail, 's e 'chiad rud a bha fear an taighe a deanamh, dol a mach 's a toirt sguuib-air-cheann do gach beothach a bha mu 'n cuairt an taighe, agus criathar làn sìl do na tunnagan, 's do na cearcan.

B'e cleachdunn eile bh' aca air a bhliadhn' ùir gu'n gabhadh tri no ceithir de na coimhearsnaich a b' fhaisge air a cheile am breacus an aon tigh comhla, agus an suipeir a rithist 's an oidhche an taigh aon eile dhu. Bha iad ag cur seachad a chuid eile de 'n latha, ag iomain, baile an aghaidh baile, fiach co air a rachadh a chluich. An uair a dh-fhàs iad sgith de dh-iomain, chaidh iad dhachaidh a ghabhail an suipearach anns an doigh a dh' ainmich mi cheana, an deigh sin chaidh iad dhan "bhàl" an sabhuil aon de na tuathanaich a bha air a chur air leth airson a' bhàil air an oidhche sin. Agus anns an doigh sin bha iad a cumail na bliadhn' ùir fad na seachduinn, neo ma dh' fhaoidte na 's fhaide.

Bha na Gaidheal o shean cho deas a chuideachadh le 'choimhearsnach aig àm trioblaid agus a bha e aig am àbhachdais. 'Nuair a thigeadh bàs air duine sam bith 'nam measg, bha e a cur a n-uile duine de mhuinntir a' bhaile fo 'n aona bhròn, agus cha robh car oibre air a dheanadh fhad 'sa bha 'n corp gun tiodhlachadh, ach a deanadh gach ni a b' urrainn dhaibh a chuideachadh agus a chomhfhurtachadh leis an teaghlach bhrònach. An uair a bha an duine marbh air a ghlanadh agus air a chur an òrdugh air son a chaidil-shiorruidh, bha e air a shineadh a mach ann an leaba anns an t-seomar a bu mhotha agus a bu fhreagarraiche anns an tigh. Bha an leaba air an robh an corp a nis 'na shineadh air a lìon-tearachadh o mhullach gu bràigh le lìon-aodaich geal, ris an abrar a' bhràigh-lìn. Bha an corp air a chòmhdachadh le aodach geal nach robh riamh air a nigheadh. Bha sia coinnlean laiste mu 'n cuairt air a chorp 'ga shoillseachadh a suas-dithis aig a' cheann, te aig gach gualainn, agus dithis aig a chasan. Bha soitheach beag làn salainn air uachdar a' chuirp. Cha robh beathach na beò-chreutair sam bith air a leigeil a stigh do 'n tigh fhad 's a bha an duine marbh 'na shineadh air an eisling. Is i bean a' mhinisteir aig an robh a' bhraigh-lìn an gleidheadh, agus

bha i 'ga iasad a mach do na daoine bochda 'n uair a bhiodh feum ac' oirre. Fad na h-uine anns an robh an corp gun tiodhlacadh bha na cairdean agus na coimhearsnaich a tighinn a chomhfhurtachadh leis an teaghlach 'nan trioblaid, a dh'oidhche agus a latha bha iad a deanadh so: gu tric b' iad na daoine òga a bha caithris feadh na h-oidhche, agus bha iad a cur seachad na h-uine le bhi 'leughadh a' bhiobuill, agus le naidheachdan. Cha robh riamh a measg mhuinntir Thireadh, orain no dannsadh aig fairc cuirp. Re na h-oidhche bha aran-coirce 's cais, agus uisge-beatha air a shineadh mu 'n cuairt do 'n chuideachd a bha caithris. Bha muinntir a' bhaile a' faicinn mar fhiachan orra-fhein gu 'n cuireadh iad an urad de chunntas bhonnaich-sia o gach croitear, agus na b' urrainn dhaibh a sheachnadh de dh' ìm agus caise, b'e so aran-na-faraire. Cha robh aig an teaghlach aig an robh an duine marbh ach an t-uisge-beatha ri fhaotainn. Tri laithean an deigh do 'n duine bàsachadh, no cho luath agus a b' urrainnear a' chiste-mharbh a dheanadh deas-agus cha robh sin daonnan furasda, oir gu tric shiubhladh iad an dùthaich mu 'm faigheadh iad fiodh a dheanadh a' chiste-bha e air a thiodhlacadh. Trath 's a' mhaduinn air latha an torraidh, bha na daoine a' cruinneachadh a dh' ionnsuidh an taighe anns an robh an duine marbh, agus bha a' chiste-mhairbh a nis air a toirt a stigh do 'n tigh agus an corp air a chur innte; ach bha iad a fàgail dùnadh na ciste gus an rud ma dheireadh. Bha gach duine mar a bha e tighinn a stigh a faotainn draim mhaith de dh' uisge-beatha fuar. 'Nuair a bha iad deas a dh' fhabh do 'n chladh, bha a' chiste air a dùnadh-agus cha robh gus a sin-bha na cairdean a bu dilse a' togail a mach na ciste agus 'ga

[TD 199]

[Vol. 6. No. 25. p. 7]

leagail air da chathair aig an dorus, agus ann an sin bha iad a' ceangal nan lunnan ris a' chiste. Bha na daoine a sin a dol an ordugh coiseachd, dithis agus dithis, guala ri guala, roimh 'n chiste; an deigh na ciste bha na boirionnaich a falbh nan ceathrar agus nan ceathrar. 'Nuair a bha na daoine air an cur an ordugh bha na ceathrar fhear a bu chàrdaiche a togail leotha a' chiste air na lunnan. Cho luath agus a thogadh a' chiste-mhairbh bhar nan cathraichean bha cuideigin 'gan tionndaidh casan as an cionn. Ma 's e athair no mathair a bh' anns an neach mharbh, bha am mac a bu shine a coiseachd roimh 'n chiste leis an t-sreing a bha a ceann na ciste 'na laimh, agus an dara mac as deigh na ciste leis an t-sreing a bha aig na casan 'na laimh. Bha piobaireachd is tuireamh aig torrath air dol á cleachdadh ann an Tìreadh roimh' 'n àm so. Mu 'n do thogadh an torrath bha da fhear air an cur air falbh do 'n cladh leis a' chosdais, aran agus caise agus uisge-beatha. Mu cheathramh a' mhìle bho 'n tigh bha na ceathrar fear a bha air toiseach an torraidh a seasamh a mach air taobh an rathaid gus an ruigeadh a' chiste iad, agus bha iad a sin a dol fo 'n ghiulan, agus bha 'cheathrar eile a dol a stigh roimh 'n chiste air deireadh nam fear, agus mar sin gus an d' fhuair a h-uile duine greis de 'n ghiulan. Far an robh iad a' leigeil as na ciste air an rathad a' leigeil an

sgios, bha iad a' togail càrn chlach, agus neach sam bith a rachadh seachad air a charn sin bha e a' cur cloiche air. 'N uair a rainig iad an cladh agus a leig iad sìos an duine marbh do aite taimh anns an doigh ghnathaichte, shuidh a' chuideachd air an lar, na fir 's na mnathan air leth bho cheile, agus chaidh na cairdean air am feadh le aran agus caise agus uisge-beatha. An deigh dhaibh a bhi reidh dheth so, bha iad a fagail beannachd aig a' cheile, agus gach neach a dol dhachaidh air a rathad fein.

RANN A BH' ACA ANN AN TIREADH AIRSON TOGAIL SULA.

"Theid mise mach ann an ainm an Athar agus a' Mhic, a thogail na h-oibre shùil; an oibre-shùil a's fhearr fo 'n ghréin, a rinn do Aingeal-neoil, as uchd Churachdain 'ic Mhanachain, a's Manachan mac Ghil, 'us Gil mac Oig, 'us Og mac a' Ghil. Air sùil bheag, 'us air sùil mhoir, air mo shùil-féin, 's air do shùil-fhéin, 's air sùil an fhir léith; 's air sùil nan seachd mnathan seangach, sith a tha anns a' bheinn ud thall. Togaidh mise an oibre-shùil, 'us togaidh Rìgh nan Dùil i leam, as uchd Dia 's na cumhachdan."

Anns a' mhaduinn trath, mu 'm blaiseadh an t-eun an t-uisge, bha am fear a bha dol a thogail an uisge a dol a mach gu tobar fìor-uisge, agus 'n uair a bha e 'togail an uisge, bha e ag aithris na rann so. A thogail na droch-shula, bha an t-uisge so air a chrathadh air ceann an duine neo a' bheathaich a laidh an t-sùil air, agus air aodann, agus bha na bilean air an fhliuchadh leis; bha an corr de 'n uisge air a chur thairis air a' cholluinn air fad. Fhad 'sa bha iad a cur air an uisge bha iad ag aithris na rann a dh' ainmich mi. Is e an t-aobhar a bha toirt orra a bhi dol a mach cho trath a thogail an uisge, gu 'n robh e air a chunntas neo-fhabharach na 'm faiceadh sùil duine iad a togail an uisge!—<eng>Highland News.<gai>

(A' chrìoch.)

"An teid aig duin' air ni fhaicinn gun sùilean?" arsa maighstir-sgoile ann an cearna de dh' Alba an la roimhe, ri 'chuid sgoilearan. "Theid," arsa fear de na sgoilearan 'ga fhreagairt. "Seadh," arsa 'm maighstir-sgoile, 's e gabhail iongantais gu'm biodh neach 'na sgoil-san cho aineolach, "ciamar a theid aig air!" "Faodaidh e fhaicinn le aon sùil," ars' an sgoilear, agus b' fheudar d' an mhaighistir aideachadh nach robh aineola sa ghille cho mor 'sa shaoil leis-san.

Tha Breatunn an deigh da mhuillein us sia ceud mìle (2,600,000) de mhilltean fearainn a chur ri h-ìmpireachd anns an da bhliadhna dheug a chaidh seachad, agus a reir coltais tha moran tuilleadh ri bhi air a chur rithe an ùine ghoirid. A dh' aindeoin sin, cha deachaidh réiseamaid ùr a chur 'san arm o chionn shia bliadhna fichead gus am bliadhna. Ach a nise tha an riaghladh a bruidhinn air an arm a dheanamh moran na's treise na tha e.

Tha corr us deich bliadhna fichead o'n bha 'n cogadh eadar na

Stàitean a Tuath 's na Stàitean a Deas, ach tha àireamh nam <eng>pensioners<gai> a sior dhol am meud. Tha mu mhuillean a' tarruing <eng>pension<gai> anns na Stàitean aig an àm so, agus tha dlùth air cairteal muillein eile ag agairt an còir, agus gun teagamh gheibh a' chuid mhor dhiubh an ainmean a chur air an rolla cho math 'sa fhuair càch. Tha na <eng>pensions<gai> a' dol a chreachadh na dùthcha.

Tha na Gearmailtich anabarrach trom air a bhi tighinn ri 'm beatha fhéin. Tha barrachd dhaoine a' cur crìoch orra fhein anns a' Ghearmailt na tha ann an dùthaich eile 'san Roinn-Eòrpa; agus anns na Stàitean, tha barrachd Ghearmailteach a cur lamh 'nam beatha fhein na tha de shluagh sam bith eile.

Ann an Ruisia, 'nuair a bhios teaghlach a' fàgail taighe, 's a dol a dh' fhuireach do thigh eile, tha e 'na chleachdadh aca bhi sgriobadh an teine bhar teintean an taighe tha iad a fàgail, gus 'ga thoirt leotha ann am bocsa d' an tigh ùr. Tha iad a' meas nach eil e fortanach an teine leigeadh as.

Tha 'n tigh anns an robh Bonaparte a fuireach fhad 'sa bha e 'na phrìosanach air eilean St. Helena, a nise na shabhal. Tha an seòmar anns 'n do chaochail e 'na stàpull, agus anns an t-seòmar 'san robh a chorp 'na laidhe romh 'n tiodhlacadh, tha muillean air son bleith gràin.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,

SIDNI, C. B.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 200]

[Vol. 6. No. 25. p. 8]

Toiseach a Gheamhraidh.

AIR FONN: "Mo run fhein thu 's d' fhaicinn slan."

Nis' o 'n thainig fuachd 'us crannadh
'S reothadh greannach oirnn cho tràth
'S tric mi smaoineachadh 's an àm so
Gu'n robh cuairt an t-samhraidh gearr.

Sud an aimsir a bha boidheach
Nuair bha feur 'us pòr a fàs,
Theirig sud mar dh' fhalbh ar n-òige
So na thainig oirnn na àit'.

Na h-eoin bhòidheach thain' o dheas oirnn
'S a bha ceileir dhuinn 'sa bhlàs,
Thog iad rithe gun ar faighneachd
'S tha na coiltichean so fàs.

An nead cuaiche a bha falach
Ann am barrach nan crann àrd,
Fead an Fhoghair rinn a rùsgadh;
Cha 'n eil diu dheth-dh' fhalbh an t-àl.

Tha gach roid us raineach uaine
Air preasadh suas 's an ceann ri làr;
Tha gach lus a b' àille snuadh
Gu tiorram cruaidh, gu seachte bàn.

C'aite bheil an àilleachd shamhraidh

Nach bu ghann againn 'sa Mhàigh?
C'ait' an diugh am bheil na flùrain?
Dh' fhalbh an cùbhrachd-thuit am blàth.

An duileach og bu bhòidhche snuadh
'S tioram truagh e air a bhlàr,
Sud a teagasg do chloinn daoine
Gu bheil caochladh dhaibh an dàn.

Nuair a bha mi og gun churam
Bha mi 'n duil gu 'm fhad mo laith;
Ach a nis air dhomh bhi liathadh
'S coir gu'm biodh mo chiall a fàs.

Sinn mar fhalas ri la gaothach
'Ruith gu eutrom air an làr;
'S mithich dhuinn le cabhaig dùsgadh-
Cha 'n eil ùine ruinn a tàmh.

Ma ni 'n ùine ruith air falbh uainn
Air a mhargaidh air bheag stàth.
Nuair a gheibh gach aon a dhuais
Bidh sinne truagh dheth latha bhràth.

Faolumaid o'n t-seangan chrianta-
Bha e gnìomhach anns a bhlàs;
'S ged a theirig am an t-solair,
Cha 'n eil dolaidh dha no càs.

Fear a chuir 's a bhuain 'nan aimsir
Cha chuir stoirmean airsan cràdh.
Fuachd no gainne cha dean claidh dha
Bho 'n tha 'n diugh a shaibhlean làn.

C. C.

Bruadar Anna.

Ho ro, an cuala tu
M bruadar a chunnaic Anna?
'Sa chuir oirre 'n t-uamhas,
An truaghan, a's i 'n a cadal-
Thug an dorus fuaim às,
'S a suas bha e thar nam bannan,
'S ghlaoidh i 's i 'g ùrnuigh
"An crùisgeinn, 's mo bhata daraich."

Thàinig iad cho dùmhail oirre,
'S phlùch iad i fo na plaidean;
'S rug i air a' chrùisgein,
'S bha 'n t-ùilleadh air feadh an tìghe.
Chuir i teine suas ris,
A's tuainealaich feadh a claignn,

'S cha robh crioman buaichd ann
Na luachair a dheanadh lasadh.

Chunnaic i na miltean
Ri miorbhuiltean air an fharadh,
'S curachd dubh Chatrina
'S e fiodhdlaireachd ann an cathair,
'N cota-bhior aig Sine,
'N a stiopull air main an tìghe,
'S dh' fhalbh a guthan sìoda,
'N a phìobaire feadh a' bhaile,

An coileach air an spàrtan
A' tàilleareachd, agus ad air,
'S na cearcan 's coc-àrd orra
'Snàmhadh air feadh an ladair,
Bòtainnean a màthar
'N a lànainn an tigh-nan-cabar
'S geinnean aig an sàiltean,
Do chaise gu 'n cumail daingean.

Chunnaic i mar shamhladh.
An seòmar a bh' aig a mammie,
Tannagan a's gamhna,
A' dannsach ann, Gille Calum,
Fiodhal agus srann aice,
Thall far am biodh an tarunn,
'Chrochadh iad 's a gheamhradh,
An lanndair, a bh' aig a grannie.

Chunnaic i cuid phìoban,
'N an siomain a's iad nan lasair,
'S an spliùchdan 's a' Bhiobull,
'S na miltean ann do na radain
'S far am biodh a sean-amhàthair
A seanachas mu 'n fhear nach maireann,
'S a chluch a bh' aig a' ghealabhan
Ri searmoin an tigh-a'-bhainne.

'S na mullainn anns a' ghàradh,
Gu 'n d' fhàs iad na 'n creagan salluinn;
'S Beinn Neibheis a's Beinn Bhàrneach,
Na 'm bàtaichean air an amhuinn,
'S roithean air an cliathaichean,
Do dh' iarruinn gu'n cuir a dh' aindeoin;
'S ann an tigh-na-h-innleachd,
Na sithichean a' dol am falach.

Bha 'n saoghal a' gluasad,
'S na cruachan a' dol 's an talamh,
'S tighean air an t-saile,
Agus stàilinn a bha 's a bhalla,
Cnuthagan a's bàrnaich,
A' sàsachadh ris na cabair,

'S an crodh a bha 's na bàtaichean,
Gu 'n d' fhàs iad 'n am mucan-nara.

Thàinig beagan tùr oirre,
'G urnuigh gu 'n tigeadh Calum,
'S bha i air a glùinean,
'S na srùlaichean di de dh' fhallas,
Le bata a's e lùbadh,
Gu 'cùl-thaobh a's i g'a tharruing,
'S 'n uair a rinn i dùsgadh
Bha smùideadh aic air a' balla.

Cuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA. Cha 'n eil e cosg ach dolair 'sa bhliadhna, agus gheibh thu na tha gun ruith dhe 'n bhliadhna so a nasguidh.

LEIGHEAS BUAN.

Sgrìobh an t-Urr. <eng>Hy. Carter, Maddock, Springfield, P. E. I., <gai> mar a leanas, ann an Iun, 1895:—"Cha 'n urrainn do m' mhnaoi labhairt tuilleadh us math mu K. D. C. an deigh na rinn e air a son. Dh' fhuiling i le droch stamaig, agus bha i ann am pian mor, cho mor 's nach b' urrainn dhi a cuid aodaich a chumail uimpe, agus smaoinich mi gu 'm faighinn K. D. C. dhi. Cha robh turas a ghabhadh i e nach robh e 'deanamh feum dhi, agus fada mu 'n do chuir i crìoch air da bhotull bha i air a leigheas, agus theid aice nis air rud sam bith ithe."

Tha an litir so a nochdadh an éifeachd a th' ann an K. D. C. agus tha 'n té a leanas ag innse gu bheil an leigheas buan. Sgrìobh <eng>Mr. Carter<gai> Iulaidh 31, 1896, còrr us bliadhna 'n deigh so: "Chuir mi roimhe so litir ugaibh ag innse mar a leighis K. D. C. mo bhean. Tha i fhathast slàn, 's gu'n a seann eucail a cur dragh sam bith oirre." Sibhse tha tinn feuchaibh e. Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air son tinneasan cuim.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da

sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean, Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 201]

[Vol. 6. No. 26. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 24 DESEMBER, 1897. No. 26.

[Dealbh]

Tha MAC-TALLA a' guidhe NOLLAIG CHRIDHEIL d'a chairdean, agus do na Gaidheil air fad, ge b'e cearna de 'n t-saoghal 'sa bheil an comhnuidh.

Sgeul a Barraidh.

A CHARAID:—A thaobh 's gun d'fhuair mi beagan eòlais air MAC-TALLA, tha mi gle dheònach a naighachd a leanas a sgrìobhadh do 'r n-iunnsuidh. Air costa 'n iar Alba, tha streath do dh' eileinean 'nan laidhe, ris an canar an t-Eilean Fada air neo Innse Gall, agus tha iad air an dealachadh o thir mor na h-Alba le caolas ris an can muinntir na Beurla am <eng>Minch.<gai> Cha bhiodh soithichean mora seòlaidh a' gabhal a' chaolais so, ach nuair a thachradh goth an ceann aca, bu tric leotha na h-acraichean a leigeadh amach am fasgadh a h-aon dhe na h-eileanean so. Bha ann am baile beag nach robh fad o'n chladach, bean chòir a bha gle dhìchiollach ri càrdadh 's ri sniomh, a chionn 'sann aice fhein a bha ris a h-uile snàile aodaich a chosgadh an teaghlach a dhianamh. Bhiodh i 'dath an aodaich le dath Gàidhealach agus cora uair le dath Gallda 'nuair a gheobhadh iad e. Air latha de na làithean, chunnaic i soitheach air acaire glé fhaisg' air an tràigh, 's thuirt i ri fear-pòsda, gu'm b'fheàrr dha falbh dha'n t-soitheach fiach am faigheadh e guirmean ri cheannach. Dh'fhalbh esan agus nuair a ranaig e 'n soitheach 's a chaidh e air bòrd innte, thuig na seòladairean nach robh e eòlach

idir air a bhi 'm broinn eathair. Air dha falbh sìos gu h-ìosal còmhla ri fear dhe na gillean, agus a' faicinn gu leòr ghual, thuirt e, "nach ann agaibh a tha 'n tòrr guirmein?" "Sann," arsa fear a bha làmh ris, "a bheil thu air son guirmein a cheannach?" "Tha," ars esan; aig a cheart àm thog an seòladair cnap guail 'na dha laimh 's thuirt e, "Bheir mise dhuit so an nasgidh, 's bi falbh ma faic a sgiobair thu." Dh'fhalbh an duine bochd 's cha bu ruith leis ach leum leis an toileachadh, 's an cnap guail fo 'achlais. Rànaig e 'n taigh 's cha b'fhad uige. "A bhean," ars esan, "nach d' fhuair mi 'n guirmean." "An d' fhuair?" ars ise, 's i toirt leum aisde le toileachadh, ach 'nuair a sheall i air an rud a bh'aige dh' aithnich i nach b'e guirmean a bh'ann 's thuirt i, "O éudail nan daoine, cha'n e guirmean a tha so idir, ach mòine nan soithichean." "Ma ta thuirt an seòladair riumsa gur e guirmain a bh'ann, ach tha mi tuigsinn gu robh gnothuichean gle neònach aca air bòrd." "Dé na gnothuichean neònach a bh'aca?" ars a bhean. "Chunnaic mi na seòladairean agus greim aca air sùgan mòr cainbe agus iad 'ga tharruinn a nios as a mhuir cho math 'sa b'urrainn dhaibh; cha mhor nach clisgeadh iad mi, mar b'e's gu robh latha ann, leis an éigheach a bh'orra." "Dé a bha iad ag radha?" ars a bhean. "Bha iad ag radha a bial a chéile "Hi Hoh H-up" agus 'nuair a thug iad an sùgan mòr sin a nios far grùnd na mara, bha crois-iarna mhor iarruinn air a cheann, tha mi smaointein nach eil duine air an t-saoghal cho làidir 's gu rachadh aige air croiseadh a dhianamh leatha; 's gann a' thogainn i:" "O eudail nan daoine," ars a bhean, cha b'e crois-iarna a bha 'n sin idir ach an t-acaire mor a bha cumail an t-soithich ann an fasgadh an fhearainn; an sùgan mor a chunnaic thu 'se sin an càbull agus bha 'n t-acaire ceangailte ris. Thug iad an t-acaire air bòrd 'san àm sin, 's tha i nis gu falbh." "O bhean," ars esan, "nach tu fhein i tha eòlach air gnothuichean nan soithichean." "S mi," ars ise, "Tha cuimhne agad fhéin an uair a bha mi air a Ghalltachd, thanig mi air a scunar bheag dha 'm b'ainm an 'Fhìr-eoin.' Bha mi 'coimhead orra a tarruinn an acaire uair na dha." "Mo bheannachd ort a bhean," ars esan, "dh'innis thu dhomh rud nach robh fios agam air." Ach goirid na dheigh sin thanig scunar a bha tigh'n á Glaschu 's i air a turus do Steòrnabhagh; leig iad a mach an t-acaire 'san fhasgadh, gus a faigheadh iad cothrom a b' fhearr air son an t-shlighe a ghabhail. Thuirt an sgiobair gu rachadh iad air tir. Bha na gillean deònach gu leòr, agus gu tir a ghabh iad. 'Sann do thaigh an duine air an d' thug mi iomradh cheana a chaidh an sgiobair; cha robh fear an taighe staigh idir, ach bha bhean ag obair mar bu ghnàth leatha. Chuir an sgiobair ceist orra de bha i dianamh. Thuirt i gur e deise do dh'fhear an taighe a bha sud, agus gu'm biodh e na bu bhriagha na'm biodh guirmein aice. Dh'innis i gu'n deach Iain a dh' iarraidh guirmein, agus gur e 'n cnap mor ud de mhòine nan soithichean a thug e dhachaidh. Leig an sgiobair sgal gàire; rinn i-fhéin a leithid eile. Thuirt an Sgiobair gu robh guirmean aig air bòrd, agus gu faigheadh ise beagan dheth, air son na rinn e do ghaireachdaich. Thug ise taing dha 's dh' fhiach i coimhneas ris fhad 'sa bha e staigh. Is mi do charaid,

RUAIRIDH.

Miughlaidh, am Barraidh.

Taobh Deas Amhuinn Dhennis.

O nach fhaca mi naigheachd as an àite so 'sa MHAC-TALLA O chionn treis a dh' ùine smaoinich mi gu'n toirinn fhin dhuibh beagan fhacal air an t-seachdain so, agus tha mi 'n dòchas gu'n teid agaibh air àite thoirt dhaibh an cùil air chor eigin.

Bha side iongantach againn o'n thànaig an geamhradh, agus mur biodh gu bheil <eng>Brayley's Almanac<gai> againn, bhitheamaid dhe 'n bharaill nach b'e 'n geamhradh a bh' ann idir. Tha an grunn cho saor o reothadh 'sa bhiodh e 'san earrach, agus tha luchd-an-t-siubhail, gu h-àraidh iadsan a bhios a' falbh na h-oidhche, ag radh gu bheil fìor dhroch chois eachd ann; tha an talamh cho bog.

Mharbh Domhnull Mac Fhionghain, anns an Acarsaid Mhoir, muc an la roimhe, a thomhais, 'nuair a bha i deiseil air son a cur gu margadh, coig ceud punnd 'sa coig. Bha so na dheagh chudthrom; cha robh a mhuc ach seachd mìosan deuga dh' aois, agus bha uirceanan aice da mhios mu 'n deach a marbhadh.

Tha mi cluinntinn gu bheil iad an deigh Clondaic a tha gle bheairteach fhaotainn a mach faisg air an àite so, ach 's iad na h-igheanan a tha dol ann. Tha àireamh mhath dhiubh ag iarraidh <eng>claims,<gai> ach tha iad ro anmoch uile ach aon té, 's tha mi an dòchas gu faigh i sin air adhart gu ro-mhath.

FEAR BAN.
Dec. 17, 1897.

Tha sinn a cluinntinn gu bheil iadsan d' am buin a mhàinn ghuaill aig Loch Chocrane, a faotainn cuideachd de dhaoine airgeadach a chur ri chéile ann an Sasuinn air son a h-obrachadh. Tha sinn an dòchas gu'n soirbhich leotha, agus gu'm bithear a' cur a mach guail as a' mhèinn an ùine gun a bhi fada.

[TD 202]

[Vol. 6. No. 26. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII. SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. II.

An uair a dhirich mi suas leig mi mi-fhein 'nam shineadh air an talamh 's gun annam ach an deo air eigin agam. An uair a dh' eirich a' ghrian suas gu math, ged a bha mi gle fhànn le sgios agus le acras, dh' fhalbh mi gu h-eigionnach feuch an tachradh ni sam bith rium a dh' ithinn. Gu fortanach thachair measan rium agus fuaran anns an robh uisge cho blasda 's a dh' ol mi riamh. Agus an uair a

dh' ith 's a dh' ol mi beagan, thainig tomhas mor dhe mo neart air ais.

Choisich mi air aghart troimh 'n eilean gus an d' rainig mi comhnard mor far am faca mi beathach eich ag ionaltradh. An uair a chaidh mi gu math dluth dha thug mi an aire gur e lair a bh' ann, agus gu 'n robh i air teaghair. An uair a bha mi 'nam sheasamh ag amharc oirre chuala mi guth duine, mar gu 'm biodh e tighinn as an talamh dluth orm. Ann an tiotadh bha e 'na sheasamh air mo bheulaobh, agus dh' fheoraich e dhìom co mi, agus co as a thainig mi. Dh' innis mi dha gach ni mar a thachair dhomh, o 'n a dh' fhalbh mi o 'n taigh. An uair a chuala e mo naigheachd rug e air laimh orm agus thug e leis mi gu ruig' uamha anns an robh aireamh dhaoine; agus ma bha ioghnadh orrasan mise 'fhaicinn, bha 'cheart uiread a dh' ioghnadh ormsa iadsan fhaicinn.

An uair a dh' ith mi beagan dhe'n bhiadh a chuir iad 'nam thairgse, dh' fheoraich mi dhiubh ciod' a bha iad a' deanamh anns an eilean fhasail ud. Thuirt iad rium gu'n robh iad an seirbheis an righ a bh' air an duthaich, agus gu 'n robh iad a' tighinn gach bliadhna mu 'n am ud le laraichean an righ a chum gu'm faigheadh iad searraich o each a bha tighinn as a' chuan. "Mur bi sinn 'n ar faireachadh," ars' iadsan, "marbhaidh e na laraichean leis na breaban. Ach an uair a chi sinn e 'teannadh ri 'm breabadh cuiridh sinn le glaodhaich 's le gleadhraich an teicheadh air am mach air a mhuir. Tha na searraich a gheibh na laraichean uaithe 'tionndadh am mach gu bhith 'nan eich anabarrach briagha, agus tha iad air an gleidheadh gu feum an righ."

Thuirt iad rium gu'n robh iad gu falbh as an eilean an la-iar-na-mhaireach, agus gu 'n tugadh iad leotha mi as an eilean. Ach na 'n do thachair dhomh a bhith latha air dheireadh gun fhaotainn air tir 's an eilan, bha mi air a bhith marbh ann; oir bha e anabarrach fad' o thir-mor.

An uair a bha sinn a' bruidhinn, chunnaic sinn an t-each a' tighinn air tir, agus an uair a fhuair an lair a bh' air teaghair searrach uaithe, ghrad dh' fhuadaich iad am mach air a mhuir e.

Gu math moch an la-iar-na-mhaireach dh' fhalbh iad as an eilean, agus thug iad mise leotha, agus thug iad an lathair an righ mi. Dh' fheoraich e dhìom co mi, agus cia mar a thachair dhomh tighinn do 'n rioghachd aige. Dh' innis mi dha h-uile car mar a thachair dhomh o 'n a dh' fhalbh mi o 'n taigh. Thuirt e gu 'n robh am mi-fhortan a thainig 'nam rathad a cur dragh mor air. Aig a' cheart am thug e ordugh seachad dh'a sheirbhisich gach ni a bhiodh a dhith orm a thoirt dhomh, agus rinn iad gach ni mar a dh' orduich e.

O 'n a bha mi 'nam mharsanta, bu tric leam a bhith ann an cuideachd mharsantan a' bhaile, agus bha mi 'feorach mu dheidhinn nan coigreach a bhiodh a' tighinn do 'n bhaile, gun fhios nach fhaodadh gu'n cluinninn sgeul a Bagdad, agus a h-uile dochas agam gu'm faighinn cothrom uair no uaireigin air tilleadh air ais ann. Bha ceana-bhaile na rioghachd air bruaich a' chladaich, agus bha

acarsaid mhath m' a choinneamh far am biodh soithichean a tighinn as gach ceàrn dhe 'n t-saoghal.

Bu tric leam mar an ceudna bhith ann an cuideachd nan daoine foghlumte, agus a bhith 'g eisdeachd ri 'n comhradh. Ach cha do dhearmaid mi a bhith cho tric 's a dh' fhaodainn ann an cuideachd an rìgh agus nam mor-mhaithean a bha 'toirt cis dha. Chuir iad moran cheistean orm mu thimchioll na duthchadh as an d-thainig mi; agus o 'n a bha toil agam fios fhaotainn mu thimchioll nan laghannan agus nan cleachdaidhean a bh' anns an duthaich acasan, bha mi 'cur iomadh ceist orrasan mar an ceudna.

Air latha araidh thachair dhomh a bhith aig a' phort an uair a thoisich sgiobadh na luinge a bha air tighinn a steach do 'n acarsaid ri cur a bhathair a bh' innte gu tir. Thug mi suil air a' bhathar mar a bha nadarra do m' leithid a dheanumh, agus ciod a b' iongantais leam na m' ainm fhein fhaicinn air cuid dhe, agus an uair a sheall mi na b' fhearr air dh' aithnich mi gu'm b' e a cheart bhathar a chuir mi air bord ann am Balsora a bh' ann. Dh' aithnich mi an sgiobair mar an ceudna; ach o 'n a bha mi 'smaointean gu'n robh e creidsinn gu'n deachaidh mo bhathadh, chaidh mi far an robh e, agus dh' fheoraich mi dheth, co dha 'bhuineadh am bathar. Thuirt e gu'm buineadh e do mharsanta 'mhuinntir Bhagdad, do 'm b' ainm Sindbad; agus gu'n robh e 'creidsinn gu'n do bhathadh Sindbad comhladh ri moran eile dhe na bha air bord. "Agus," ars' esan, "tha mise suidhichte gu 'n reic mi e, agus gu 'n toir mi an t-airgiod a gheibh mi air a shon do na cairdean as dluithe a tha aig Sindbad, an uair a thilleas mi dhachaidh."

"A sgiobair," arsa mise, "is mise Sindbad a bha duil agad a chaidh a bhathadh, agus is leam am bathar so."

An uair a chuala 'n sgiobair so thuirt e, "O chruitheachd! co dha is urrainn duinn geill no creideas a thabhairt 's na laithean so? Dh' fhaibh an fhirinn 's an onair buileach glan a measg dhaoine. Chunnaic mi le mo shuilean fhein Sindbad a' dol a dhith, agus chunnaic na daoine eile a bh' air bord e a cheart cho math riumsa. Agus 'na dheigh so gu leir, tha thusa 'g radh gur tu fhein Sindbad. Nach tu chaill do naire gu buileach glan! Shaoileadh daoine le amharc ort, gur duine thu anns am bheil firinn is onair; agus 'na dheigh so gu leir, tha thu 'g innse nan tulla-bhreugan a chum gu'm faigheadh tu coir air nithean nach buin dhut."

"Biodh foighidinn agad a dhuine," arsa mise; "bi cho math 's gu'n eisd thu rium gus an innis mi dhut na bheil agam ri radh."

"Ceart gu leor," ars' esan, "labhair thusa, agus eisdidh mise riut." An sin dh' innis mi dha a h-uile car mar a fhuair mi gu tir, agus mar a thug seirbhisich an rìgh as an eilean mi.

Thug so air gu'n d' rinn e air a shocair, agus gu'n do smaoinich e gu'n robh coltas na firinn air na dh' innis mi dha; ach anns an am tuainig feadhainn dhe na bha air bord 's an luing gu tir, agus dh' aithnich iad mi anns a' mhionaid, agus bha iad anabarrach toilichte

a chionn gu 'm faca iad beo mi. Mu dheireadh dh' aithnich e fhein mi, agus chuir e a dha laimh mu m' mheadhain, agus thuirt e, "Cliu do 'n fhreasdal gun d' fhuair thu as gun do bhathadh. Cha 'n urrainn domh innseadh cho toilichte 's a tha mi. Tha do chuid bathair an sid; thoir leat e's dean do thoil ris."

Thug mi taing dha air son cho caoimhneil 's cho onarach 's a bha e. Thairg mi dha dairt dhe 'n bhathar air son a dhragha, ach cha ghabhadh e dad uam.

Dh' fhosgail mi na saic, agus thug mi asda am bathar bu luachmhoire a bh' agam, agus chuir mi ann an tairgse an righ e. O'n a bha fhios aig an righ air gach mi-fhortan a thainig 'nam rathad, dh' fheoraich e dhom c'aite an d' fhuair mi am bathar luachmhor ud? Dh' innis mi dha mar a thachair. Bha e anabarrach toilichte a chionn gu 'n robh mi cho fortanach 's gu 'n d' fhuair mi mo chuid fhein gu sabhailte, agus ghabh e gu toileach uam am bathar luachmhor a chuir mi 'na thairgse. Thug e dhomh tiodhlacan moran na bu luachmhoire na thug mi dha. Ghabh mi mo chead dheth, agus an deigh dhomh am bathar a reic, agus moran de bhathar luachmhar eile a cheannach gus a thoirt leam dhachaidh, chaidh mi air bord 's an luing. Fhuair sinn soirbheas fabharrach air ar turus dhachaidh. Mu dheireadh rainig sinn Balsora, agus b' fhiach na bh' agam de bhathar ceud mile bonn oir. Thainig mi a Balsora do 'n bhaile so. Bha mi fhein 's mo chairdean gu leir gle aoibhneach a chionn gu 'n do thachair sinn ri' cheile ann an slainte. Cheannaich mi fearann, agus thog mi taigh mor, maiseach, agus bha seirbhisich gu leor agam. Agus bha 'n am bheachd aig an am fois a ghabhail, agus gach trioblaid troimh an deachaidh mi a leigeadh gu buileach air dichuimhne.

An uair a chuir Sindbad crioich air na

[TD 203]

[Vol. 6. No. 26. p. 3]

briathran so, dh' ordaich e do 'n luchd-ciuil teannadh ri cluich. Bha 'chuideachd gu leir ag itheadh 's ag ol, agus a' cur seachad na h-uine gu cridheil, caoimhneil, cairdeil, toilichte, gus an tainig an t-am dhaibh a bhith dealachadh ri cheile. An uair a bha 'm portair a' falbh, thug Sindbad dha ceud bonn oir, agus thuirt e, "gabh so, agus bi falbh dhachaidh; ach thig air ais am maireach, agus cluinnidh tu tuileadh dhe m' eachdraidh-sa."

Thill am portair dhachaidh, agus bha ioghnadh gu leor air araon airson an urram a chuir Sindbad air, agus gu h-araidh air son gu 'n d' thug e suim mhor oir dha.

(Ri leantuinn.)

Ruisia agus <eng>India<gai>.

Is e da-rireadh, saoghal neonach anns am bheil sinn. B' abhaist do Staitean America 's do Ruisia 'bhi 'nan cairdean baigheil, dluth, ged bha iad 'nan doighean uachdarach agus riaghlaidh 'dol calg-dhireach an aghaidh a cheile. Cheannaich na Stàitean Alasca 'tha ann an Iar-thuath America bho Ruisia airson suim mhoir airgid. Aig an àm so, cha 'n eil ceann no crìoch air an daimh a tha eadar Ruisia 's an Fhraing. Tha iad a' moladh a cheile ann am briathran a tha anabarrach caomh agus gradhach. Fhuair an t-Iompaire Napoleon bas ann an Sasunn an deigh do 'n chogadh a bha eadar an Fhraing 'us a' Ghearmailt a bhi seachad. Cosmhuil ri iomadh rìgh 'us ceannfeadhna eile 'bha na fhogarrach, fhuair Iompaire nam Frangach, an latha 'airc, aoidheachd agus tearuinteachd bho chumhachd a naimhdean guineach. Thionndaidh an Fhraing a culthaobh gu buileach r'a rìghrean dligheach; agus a reir gach coslais is e riaghladh cosmhuil ri riaghladh nan Stàitean air an taobh mu dheas de Chanada, a tha 'nis aig na Frangaich agus a tha taitneach 'nan suilean. Is iad na Frangaich iad fein a tha 'taghadh ard-uachdarain no cinn-suidhe na dùthcha. Is ann air caochladh doigh tha rioghachd farsuing Ruisia air a riaghladh. Cha 'n eil parlamaid aig na Ruisianaich, agus cha 'n eil beachd no inntinn an t-sluaigh aon chuid air iarraidh no air a ghabhail. Tha aig an t-Csar no aig Iompaire Ruisia, cumhachd eagalach os cionn an t-sluaigh gu leir. Faodaidh e 'roghainn fein a dheanamh, oir cha 'n eil ughdarras air bith aig cuirt no aig parlamaid thairis air. Is iongantach an sealladh mata, gu bheil Ruisia 's an Fhraing co measail air a cheile, 's a labhairt ann an cainnt thlusail mu dheibhinn nam feartan briagha 'bhuineas doibh le cheile. Bha dian iarrtus aig na Ruisianaich air crìoch a chur air rioghachd nan Turcach an uair a thoisich cogadh a' Chrimea. Tha Ruisia daonnan a' cumail a mach gur ann airson saorsa creidimh a chosnadh agus fhaotainn doibhsan a tha 'leantuinn na h-Eaglaise Ghreugaich a measg nan Turcach, a tha i an drasda 's a rithist a' tarruing a' chlàidheimh as a thruaill agus a' cur a' chath an aghaidh nan Turcach. O'n tha 'n Sultan agus a' Phashas co borb, bruideil, anameasarra, b' fhearr gu mor do 'n t-saoghal agus do na iochdarain thruagha 'tha ann an rioghachd nan Turcach, gu tigeadh crìoch gu h ealamh 'us gu brath air gach cumhachd a tha 'leantuinn Mhahomait agus a Chorain. Tha fios cinnteach aig daoine glìce Ruisia, gu fasadh iad fein agus an uachdarain bog, 'us meat, 'us lag, 'us macnusach, nan treigeadh iad sneachd 'us reothadh 'us aile fallain, fuar na h-airde tuath, agus nan gabhadh iad comhnuidh ann am baile mor an t-Sultain, leis gach teas, 'us beartas, 'us leisg, 'us lunndaireachd a dh' fhuiling agus a nochd gach fine 'bha riamh a' tuineachadh ann. Tha na Ruisianaich a' deanamh oidheirp corr uair air beagan saorsa fhaotainn doibh fein, le meadhonnan a tha cruaidh 'us an-ìochdmhor. Chuir na droch dhaoine, na Nihilists, seanair an Iompaire tha 'nis a' rioghachadh, gu bas muladach, le 'n innleachdan iargalta, mosach. Is e co dhiu, rioghachd fuasach laidir, 'us beartach, 'us aghartach a tha ann an Ruisia. Tha i 'sgaoileadh a sgiathan 'us a h-ughdarras le neart a' chlàidheimh gle thrìc ann an <eng>Asia<gai> mu dheas agus ann an <eng>Asia<gai> mu thuath. Cha 'n fhada gus an tig crìoch air an t-saothair mhor a tha i 'deanamh airson rathaid-iaruinn a bhi aice troimh Shiberia gu leir gus a' chuan fharsuing, shamhach a tha eadar America 'us <eng>Asia.<gai> Tha port no camus, no bagh, no acarsaid thearuinte, dhomhainn a

dhith oirre air taobh an ear <eng>Asia.<gai> Tha e soilleir aig an àm so, gu faod aimhreit, 'us connspuid, 'us cogadh eiridh suas gu pailt mun tig cordadh seasmhach eadar Ruisia, 'us Breatunn, 'us China, 'us Iapan am measg eileanan, 'us ròsan, 'us comhnardan, 'us aimhnichean <eng>Asia<gai> anns an airde 'n ear. Tha Ruisia ag imeachd le ceum foirmeil, trom ann an coir 'us sealbh a ghabhail agus a ghleidheadh air cuibhrionn mhor de mheadhon <eng>Asia.<gai> Bha eagal, a bha nadurra gu leor air luchd-riaghlaidh <eng>India<gai> gu robh Ruisia 'deanamh a dichill airson rathad fhaotainn do na h-Innsean, agus mar so airson crìoch a chur air cumhachd, 'us ainm, 'us saobhreas Bhreatunn ann an <eng>India<gai>. Is ro-mhaith a's aithne do sheirbhisich an t-Csair aimhreit a dhusgadh suas am measg sluaigh air bith, agus mar so air leisgeul fhaotainn le cleasan fealltach, mi-onorach airson an guth a thogail ann an gnothuichean nach buin idir doibh. Bha iad bho cheann bliadhna no dha dichìollach ann an deanadh uile agus ann am fadadh suas aimhreit 'us aramach am measg fineachan a tha 'comhnuidh air taobh mu thuath na Himalaias, agus a tha mar so n an coimhearsnaich aig <eng>India<gai> agus aig Breatunn. Tha luchd-riaghlaidh <eng>India<gai> le suil gheur, fhaicilleach a' leantuinn daonnan slighe chlaoin Ruisia. A reir gach coslais thog i air falbh a h-àire bho <eng>India<gai> gu China 's an Cuan Samhach aig an àm so. Cha 'n eil aobhar sonruichte air bith againn a bhi amharusach gu robh Ruisia 'brosnuchadh nam fineachan iargalta 'rinn aramach uamhasach ann an Iar-thuath <eng>India<gai>. Fhuair an t-Sultain agus a Thurcaich buaidh air na Greugaich. Chaidh an naigheachd so air feadh luchd-leanmhuinn Mhahomait anns gach tire. Thoisich luchd-teagaisg amaideach ris an abair iad Mullahs air aimhreit a dhusgadh suas am measg nam fineachan a tha ann an cnoic Iar-thuath <eng>India<gai>, le bhi 'g radh gu tainig an t-àm agus an cothrom airson buaidh fhaotainn do chreidimh Mhahomait ann an <eng>India<gai>, 's air feadh an t-saoghail, agus airson crìoch a chur gu brath air uachdaranachd Bhreatuinn ann an <eng>India<gai>. Rinn am feachd Breatunnach maille ri saighdearan calma Innseanach, gnìomharan mora cheana, ann a ciosnachadh nam fineachan amaideach ud. Chaidh moran fala dhortadh cheana. Thuit iomadh ceannard glic agus laoch gaisgeil anns an stri. Cha 'n eil an t-aramach fathast thairis. Gheibh na Breatunnaich fadheoidh buaidh, mar a fhuair iad ann an iomadh cruadal 'us cogadh roimhe. Bithidh sith 'us soirbheachadh fathast am measg nan daoine ceannairceach aig am bheil an dachaidh ann an cnoic Iar-thuath <eng>India<gai>. Seasaidh iad fathast air taobh Bhreatuinn leis na rioghachdan eile le 'n sluagh lionmhor ann an <eng>India<gai> 'tha taingeil do Bhreatunn, o'n tha iad a' faotainn ceartais, 'us sonais, 'us saorsa fo riaghladh cothromach, caoimhneil na Ban-Iompaire Bhictoria, Ban-righ Bhreatuinn.

CONA.

COMHRADH

EADAR MURACHADH BAN AGUS COINNEACH CIOBAIR.

MUR.—Bha dùsal cadail orm, agus an àm domh dùsgadh suas, air domh na

coin a chluinntinn a' comhartaich aig an dorus, is beag duil a bh' agam gur e Coinneach Ciobair a bha aig an stairsnich aig an uair anmoich so dhe 'n oidhche. Thig a steach fhir mo ghraidh, agus innis domh ciod is cor dhuit, agus cia mar a dh' fhag thu iad gu leir 's a' Ghoirtean Fhraoich?

COIN.—Ma ta, a Mhurachaidh, is fear gun nàire 'chuireas dragh air teaghlach sam bith aig an uair neo-iomchuidh so, agus uime sin, is fear gun nàire mise, oir tha thu 'faicinn gu 'n d' rinn mi sin.

M.—Dùin do bheul, a charaid, agus na cluinneam smid tuilleadh dheth 'leithid sin de sheanchas, oir tha deagh fhios agad nach eil anam beò, a mach o'm theaghlach fein, a bheireadh barrachd sòlais do m' chridhe fhaicinn na Coinneach Ciobair aig uair sam bith dhe 'n la, no dhe 'n oidhche. Dean suidhe, ma ta, gus an duisg mi bean-an-tighe.

C.—Bean-an-tighe! cha dean thu idir e,—is tu nach duisg, oir cha 'n eil ni sam bith a dh' uireasbhuidh ormsa ach beagan bhriathra-seanchais, agus cùil bheag chum mo cheann a chur fodham gu maduinn.

(Air a leantuinn air taobh 206.)

[TD 204]

[Vol. 6. No. 26. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 24 DESEMBER, 1897.

Facal a Michigan.

A CHARAID:—Tha mi feuchainn cho math 's is urrainn domh ri luchd-gabhail ùr fhaotainn do MHAC-TALLA. Tha àireamh mhor agam 'san amharc, agus tha dòchas agam gu faigh mi iad uile, 'nuair a gheibh mi cothrom air a dhol 'g an coimhead. Tha mi duilich innse dhut gu 'n do chaochail fear de 'n fheadhain dh' ionnsuidh 'n do dh' iarr mi ort am MAC-TALLA chur o chionn mìos no dha air ais. 'Se b' ainm dha Pàdruig Domhnullach; thanaig e mach á Uishist a chinn a deas o chionn deich bliadhna, agus cha robh e ach mu thri bliadhn' deug air fhichead a dh' aois. Dh' fhàg e bean agus còignear de chloinn bhig.

Tha mi air mo chumail gle thrang air an fhoghar so. Bha roinn mhor de chòrn agam an cur, agus thug am bualadh ùine mhor dhìom. Tha còrr us mìle buiseal agam dheth air an dias. Cha'n eil pris sam bith air an so; cha'n fhaighear air ach da shent dheug am buiseal. Ach cha chreic mise mo chuid còrn air sin idir; tha sia eich agus roinn mhor mhucan agam, agus theid iad troimh 'n chuid a's motha dhe mu'n tig an còrn ùr an ath bliadhna.

B'fhior thoigh leam a dhol a null a dh' Uidhist aon uair eile, agus ma bhios mi air mo chùmhachadh cha'n fhada gus an teid mi air chuairt troimh Ghaidhealtachd, agus cha 'n eil fhios agam nach taghail mi an Ceap Breatunn air m' fhaibh no air mo thilleadh. Chaidh mi tarsuinn an Atlantic tri uairean cheana, agus ged tha mi an so, tha mo chridhe anns an t-seann dùthaich fhathast. Tha ceathrar bhràithrean agus triùir pheathraichean agam ann an Uidhist a chinn a Tuath.

Mo bheannachd leat a h-uile latha chi 's nach fhaic, agus gu ma fada bhios tu comasach an MAC-TALLA chur ugainn. 'Se tha cumail m' inntinn suas. 'Nam biodh a h-uile fear agus te cho measail air cainnt a mhathar 'sa tha mise, bhiodh MAC-TALLA gle mhatha dheth. Beannachd ort fhéin agus air a h-uile neach a tha faighinn MHIC-TALLA! Is mi do charaid,

IAIN MAC-A-BHIOCAIR.
<eng>Rescue, Mich.<gai>

Bas Dhiarmaid.

Dluth do Shamdail mu dhusan mìle tuath de Cheann-locha, tha a' bheinn is àirde ann an Cinntire-Beinn an Tuirce. Is i so a' bheinn a tha air a deanamh ainmeil anns na "Seann Dana," far an do mharbh Diarmad an torc mòr, ciar, a bha ag aiteachadh na beinne so, agus a bha deanamh milleadh agus sgrios air gach taobh mu'n cuairt da, agus a' cur uamhas air gach neach a rachadh an rathad. Aig an àm sin, bha Fionn le a chuid daoine, ann an Cinntire, agus thug e ordugh do aon diubh-Diarmad-a dhol agus an torc a mharbhadh. Bha Diarmad 'na dheagh shealgair agus thog e gu garadh an tuirc, agus mharbh e an torc. Chuir meudachd an uile-bheisd iongantais air Fionn agus air a chuid daoine, agus dh'iarr e air Diarmad a thomhas le casan rùisgte. Rinn Diarmad mar dh' iarradh air, thomhais e a' bheisd, a' toiseachadh aig a cheann; ach cha robh so taitneach do Fhionn. Bha eud no mì-rùn ann an cridhe an rìgh an aghaidh Dhiarmaid agus thug e an ath ordugh da "Tomhais an torc an aghaidh a' chuilg." Bha air a

ràdh gu'n robh Diarmad do-leontaidh anns gach mir de chorp ach an t-sàil, agus air da an torc a thomhas an aghaidh a' chuilg, lotadh e anns an t-sàil, leis na cuilg làidir, phuinnseanta, agus fhuair e bàs. Tha air a ràdh gu'm b'e Diarmad sinnsear nan Caimbeulach, agus gu'm b'ann o cheann an tuirc so, a ghabh na Caimbeulaich an suaicheantas.

Bha cuid de na paipearan-naigheachd Sasunnach, ann a bhi toirt iomraidh air treubhantas nan Gàidheal Ghordonach anns na h-Innsean, a dh' ainmich iad mar "réiseamaid Shasunnach!" A reir dòigh-labhairt nam paipearan sin agus a' chuid mhor de na Sasunnaich, cha'n eil ni Eirionnach, Albannach, no Breatunnach ann idir-buinnidh gach ni do Shasuinn, agus air Sasuinn bidh iad air an ainmeachadh. 'S beag an t-ioghnadh ged a bhiodh muinntir na h-Alba a' cur tagradh a dh' ionnsuidh na Ban-righ'nn a' guidhe gu'm biodh stad air a chur air an droch cleachdadh sin. Agus theid sin a dheanamh, neo bidh fhios aca car son.

Ghabh a' Ghearmailt o chionn ghoirid, seilbh air port ann an Sina d' an ainm Kiao-Chau, agus ùine ghoirid an deigh sin ghabh Ruisia seilbh air àit eile, <eng>Port Arthur.<gai> Tha sin ag aobharrachadh moran bruidhne am measg luchd-riaghlaidh nan rioghachdan eile. agus tha cuid de na paipearan Breatunnach ag radh gu'm bu chòir do Bhreatunn còir a ghabhail air aite dhi fhéin ann an Sina, air eagal gu fas a Ghearmailt agus Ruisia tuilleadh us làidir air a son anns an àirde 'n Ear.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers,<gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgriobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 205]

[Vol. 6. No. 26. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh còrr us da cheud mìle buiseal coirce a chur a null do
Bhreatunn air a mhios s'a chaidh a Eilean a' Phrionnsa.

Bha fear-parlamaid air a thaghadh ann an siorrachd Nicolet, an
Cuibeic, Di-màirt s'a chaidh. 'S e <eng>liberal<gai> a fhuair a
stigh, ged is e <eng>conservative<gai> a bha stigh roimhe. Bha mu
cheud bhòt aige bharrachd air an fhear a bha 'ruith 'na aghaidh.

Bha oidhche Di-sathhrna, Di-dònaich agus Di-luain gle fhuar; bha
barrachd reothaidh ann 'sa thanaig air a gheamhradh so fhathast.
Thuit beagan sneachda, ach cha d' rinn e feum sam bith do na
ròidean. Bha gaoth mhor ann feasgar Di-luain.

Chaidh 18,261,000 buiseal crithneachd a thogail ann am Manitoba am
bliadhna, agus 10,629,000 buiseal coirce. Eadar a h-uile seòrsa
gràin a bh' ann, bha 32,500,000 buiseal air a thogail. An ath
bhliadhna bidh mu cheithir cheud mìle acaire fo bharr nach robh air
a threabhadh riamh roimhe.

Chaidh bean d' an ainm Anna Nic Ghill-fhinnein ann an Catalone, air
chall eadar a tigh fhéin 's tigh aon de coimhearsnaich, air a cheud
latha de'n mhios, agus chuir i an oidhche sin agus a' chuid bu
mhotha dhe'n ath latha seachad anns a' choille. Bha i a' feuchainn
ri tigh a coimhearsnaich a ruigheachd air ceum goirid 'nuair a
chaidh i air chall.

Chaidh Deòrsa K. Vanderbilt a null do 'n Roinn-Eòrpa air an t-

seachdain s'a chaidh, agus mu 'n d' fhalbh e, chuir e millean dolair de dh' airgead-cinnteachaidh air a bheatha. 'S e so an t-suim a's motha chaidh a chur le aon chuideachd riamh air beatha aon duine. Tha e 'cosg coig mile deug air fhichead dolair 'sa bhliadhna dha, agus tha aige ri bhi 'ga phàigheadh fad fichead bliadhna.

Cha mhor gu bheil seachdain a' dol seachad o'n thanaig am fuachd gun sgeul bàthaidh a bhi anns na paipearan naigheach. Bidh gillean agus nigheanan beaga a dol a skateadh cho luath 'sa thig a' cheud deigh air na lochan 's air na h-aimhnichean, agus tha sin gu tric ag aobharachadh call beatha. Bu choir do phàrantan 's do mhuinntir eile a bhi gu math faiceallach air an deigh gus am bi i cinnteach.

Tha kerosene Geancach 'ga chreic air feadh chearnan de Chanada air treas cuid na prise a tha na ceannaichean ag iarraidh. 'S e 's coireach ri sin gu bheileas a' smugladh moran dhe as na Stàitean. Tha an <eng>duty<gai> a thatar a pàigheadh air olla gle àrd, agus tha moran dhe 'n bharrail gu 'm bu chòir isleachadh; na 'm biodh sin air a dheanamh cha bhiodh ach gle bheag smuglaidh air a dheanamh, oir cha bhiodh buannachd sam bith ann.

Tha Lyman Dartt air aideachadh gu 'm b'e mharbh an t-Armenianach, ach tha e 'g radh gu'm b' ann le tuiteamas a rinn e e. Bha e anns a choille as deigh mathain, agus air dha bhi dol seachad air craoibh-laidhe, thuislich e, agus dh' fhalbh an urchair as a' ghunna. Chual' e cuideiginn a gearan, agus 'nuair a chaidh e dh' ionnsuidh an rathaid a dh' fhaicinn co bh' ann, fhuair e an t-armenianach marbh. Ghabh e leithid a dh' eagal 's gu 'n do theich e. Chuir e urchair anns a ghunna an ath latha air eagal gu'm biodh àmhrus air, agus cha d' thug e guth air na thachair, an dòchas gu'm biodh e air a shaoradh aig a chùirt. 'S e pios dhe 'n aon phaipear-naigheachd a bha 'na chuifein 'san da urchair agus 'se sin a dhit e. Cha 'n eil teagamh nach leigear a bheatha leis, ach bidh e air a chur dh' an tigh-obrach. 'N an robh e air a sgeul innse aig a chùirt, bhiodh e moran na b' fhearr dheth.

Fhuair e duine air am bheil an luibhre ann am baile <eng>St. John, N. B.,<gai> o chionn ghoirid. Is duine dubh e a thanaig o chionn beagan mhiosan air ais á Bermuda.

Ged nach robh ach àireamh gle bheag ann am Montreal a ghabh a bhreac 'nuair a bha i ann o chionn ghoirid, chuireadh cosguis nach bu bheag air a' bhaile. Chaidh deich mile fichead dolair a chosg a' feuchainn ri cur as d' an tinneas. Tha am baile nise buileach cuibhtean i.

Bha coinneamh bhliadhnail Sgoil nan Dall air a cumail ann a' Halifax toiseach na seachdain s'a chaidh. Tha an sgoil so a' deanamh obair mhath ann a bhi toirt foghlaim agus comas am beòlaid fhéin a chosnadh do mhuinntir a tha dhith am fradhairc, agus bu chòir do mhuinntir nam mor-roinnean isean a' cumail suas gu math.

Bha baile-mor Bhoston a' taghadh àrd-bhàillidh Di-màirt s'a chaidh, agus fhuair Quincey, an <eng>Democrat,<gai> a stigh. Bha am fear so a stigh an da bhliadhna chaidh seachad. Bha dithis eile ruith 'na

aghaidh. Cha do ruith Iain L. Sullivan idir; threig a mhisneachd e latha 'n aineamachaidh. Tha esan na's fhearr air òl 's air sabaid na bhiodh e air riaghladh baile.

Chaidh soitheach a mhuinntir Newfoundland a ghlacadh le luchd na cuspuinn ann an Sidni Tuath seachdain romh 'n dé, air son a bhi smugladh. Bha roinn de stuth làidir 's de thombaca air bòrd aice. Tha moran dhe 'n obair so a' dol air adhart air an taobh so dhe 'n eilean, agus tha 'n t-àm aig an luchd-riaghlaidh ionnsuidh làidir a thoirt air stad a chur oirre.

Chaidh soitheach-iasgaich Geancach a ghlacadh o chionn ghoirid air son a bhi bristeadh air laghannan an iasgaich. Bhatar a' sealltuinn a mach air a son o chionn treis a dh' ùine. Chaidh i stigh do <eng>Lockeport, N. S., <gai> mios no dha air ais, agus an deigh beagan càraidh a bhi air a dheanamh oirre, dh' fhalbh i gun a dhol troimh thigh na cuspuinn idir. Cuirear càin ochd ceud dolair oirre.

Tha airgead meallta a cur dragh orra anns na Stàitean an dràsda-buinn dolar anns am bheil a cheart uiread airgeid 'sa tha 's na buinn chearta. Tha na bancaichean fhéin air am mealladh leotha gu tric, leis cho doirbh 'sa tha e an aithneachadh. Cha 'n eil ach beagan a bharrachd air fiach leth-dolair de dh' airgead anns an dolar Gheancach, agus tha iadsan a tha ris na buinn mheallta a deanamh saobhreis nach beag. Ach ma gheibhear greim orra, theid an cur a dh' àite anns an ionnsaich iad ceaird eile.

Thanaig fios á Boston deireadh na seachdain s'a chaidh ag innse gu bheil mèinn Bhictoria ri bhi air a cumail fosgailte, sgeul a tha gle thaitneach le muinntir eile. Bha an obair air sgur latha no dha mu 'n d' thainig am fios, agus bhatar ag obair air gach ni a b' fhiach an t-saothair a thoirt as a' mhèinn, ach chaidh stad a chur air sin gu 'n dàil. Cha chuala sinn guth mu mhèinn Ghowrie, ach tha i sin cheana air a lionadh le uisge, agus ged is bochd an gnothuch e, tha e ro-choltach gu bheil i air a dùnadh gu buileach. Tha e tigh'nn gle chruaidh air muinntir an àite sin a bhi 'ga fhàgail an deigh do mhoran dhiubh dachaidhean seasgair a dheanamh dhaibh féin.

BAS.

Air Beinn Ghilanders, aig an Amhuinn Mheadhonaich,, air an naodhamh latha de Nobhember, chaochail Iain Caimbeul, aois ceithir fichead bliadhna 'sa h-ochd deug. B'e aon de na daoine bu shine bha air a' bheinn. Bha e 'na dhuine air an robh fìor mheas aig na h-eòlaich uile, agus tha e nise air a dhol do 'n dachaidh bhuan a dh' fhaotainn a dhuais air son beatha dhìreach, cheart. Dh' fhàg e bean agus coignear nighean gu bhi caoidh companach dileas agus athair gràdhach.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai>
Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35
Orain Iain Luim
.35
Gramer Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.
Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 206]

[Vol. 6. No. 26. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 203.)

M.-Bi 'n ad thosd, a Choinnich, tha e cianail mar eil comas aig

duine bochd a thoil a dheanamh 'n a thigh fein. Eirich a' bhean, eirich, agus faic co a th' againn an so.

Air ball, bha bean Mhurachaidh air a bonnaibh, agus an sàs ann an Coinneach, a' cur failt is furain air.

C.—Is obair gun aobhar so air fad,—

M.—Na cluinneam tuilleadh dheth sin, a ghraidh nam fear, oir ged nach deachaidh do chuid 's a' phoit, tha drùbhag 's an t-searraig dhuibh a fhliuchas do sgòrnan, agus cha mhisd' thu boinne beag an deigh do thurais, maille ri crioman as a' mhulachaig agus greim dhe 'n aran. Goilidh a' bhean an coire beag, agus is feairrd thu diodag bhlàth, mu n cuir thu do cheann far am bi dùil agad 'fhaotuinn 's a' mhaduinn.

C.—Gu dearbh 's gu cinnteach cha ghabh mi boinne blàth an nochd, agus cha 'n eil stath a bhi 'bruidhinn. An deigh dhuinn an Leabhar a ghabhail, rachamaid le beannachd a chadal, agus gheibhear gach ur-sgeul 's a' mhaduinn.

M.—Mar bi e air mo chomhairle-sa, biodh e air do chomhairle fein, a rùin mo chridhe. Oidhche mhaith agus deagh fhois dhuit. Do bhrìgh gu 'm bheil thu sgìth na dean cabhag 's a' mhaduinn.

C.—Fàilt ort, a Mhurachaidh, is moch thu air do bhonnaibh mar a b' àbhaist, am bheil thu gu fallain, slàn, surdail an diugh?

M.—Is dàn a bhi' talach, a Choinnich, ach carson a dh' eirich thu co moch, air duit a bhi airsnealach, sgìth an raoir, ach cha robh uine agam fhoighneachd ciod an gnothuch mu 'n robh thu an de, an uair a thainig thu, mar an sneachd, gun dùil riut?

C.—Bha mi air Feill Mo-Chalmaig, far an do reic mi trì cheud molt le Sir Seumas air son an d' thugadh dhomh dùbladh sin de phùinnd Shasunnach.

M.—Fhuair thu mù's mor, da phunnd air a' cheann, ach is cinnteach gu 'n robh iad ciatach.

C.—Bha iad mar a bha am baile ann an Baideanach, an eatorras, ach chuir duin'-usal àraidh d'am b' ainm Mac-an-Fhleisteir, fios-dealain orra dh' ionnsuidh Shir Seumais, agus chord iad fein mu 'n luach, ach thug e dhomhsa òrdugh-banca do Shir Seumas air son sea ceud, a thuilleadh air cùig buinn òir a chur e am laimh fein air son mo shaoithreach.

M.—B'e 'n duin'-usal e da rìreadh, agus cha mhiste leam agad na cuig buinn sin, is bòidheach iad, agus is maith 'n an àite fein. Cuiridh iad brògan air Seonaid agus air na pàisdibh.

C.—Cha b'e sin an gnothuch furast an diugh, a Mhurachaidh,—na brògan! Ach coma co dhiubh, is taitnich' airgid nam bròg na duais an léigh; agus is fearr a bhi 'caitheadh nam bròg no nam

plaideachan. Ach, a Mhurachaidh, cha 'n eil mi tuigsinn fo 'n ghréin ciod is ciall do 'n <eng>telegram<gai> sin a thug Sir Seumas o cheann mios air ais 'dh' ionnsuidh a Chaisteil aige. Tha e 'dol os ceann mo sgil agus mo sgoil, agus cha 'n eil dùil agam gur ni e a ta cneasda. Tha òganach an sud ann an seòmair beag a' sìr-amharc air aghaidh rud cosmhuil ri uaireadair Gearmailteach, air am bheil da làimh bhig a' grad chlisgeadh a null 'sa nall, agus tha greim aige air gnè iuchrach leis am bheil e do ghnàth a' gliogairsich, agus a' cur nan làmh beaga air chrith-ghluasad gun sgur. Cha 'n aithne dhomh idir ciod is ciall da.

M.—Tha mi 'gad chreidsinn, a Choinnich, ach is e an telegraph aon de na h-innleachdaibh miorbhuileach sin a fhuaradh a mach o cheann beagan bhliadhnaichean, agus cha lugha na ceithir no cùig dhiubh, co-ionnan iongantach annta fein, a fhuaradh a mach o'n bha d' athair 'na leanabh.

C.—Ainmich iad sin, a Mhurachaidh, a chum gu 'm bi cuimhn' agam orra.

M.—O'n a's cuimhne leam fein fhuaradh a mach an <eng>telegraph,<gai> an toit-chumhachd, an gas-sholus, agus dealbh-tharruing na gréine, a thuilleadh air iomadh athleasachadh feumail eile.

C.—Mìnich dhomh an telegraph an toiseach, a Mhurachaidh, oir is minic a chunnaic mi na caol-shlatan iarunn air an sineadh, agus air an teannachadh air mullach nan crann àrda, agus is tric a chuala mi na naigheachdan a' dol seachad le srann-fhuaime air na slataibh, agus a' toirt orra a bhi seinn mar air teudaibh fìdhle. A reir coslais is iad na deagh-naigheachdan a bheir a mach binn-cheòl dhe 'n t-seòrsa sin, oir cha 'n eil ni sam bith toilichte no taitneach mu 'n droch naigheachd.

M.—Tha thu gu tur air do mhealladh mu na nithibh sin, a Choinnich, oir cha 'n iad na naigheachdan a ta deanamh na fuaime, ach an osag ghaoithe a' gluasad nan slat a ta air an teann-tharruing mar theudan na cruite-ciuil.

C.—Ciamar, uime sin, a chuirear an naigheachd air falbh?

M.—Tha sin 'g a dheanamh le dealanach nan spéur. Tha fios agad, a Choinnich, gu 'm bheil e comusach an dealanach a dheanamh le stuthannaibh sonruichte, agus a ghleidheadh ann an searragaibh àraidh a ta air an cumadh air a shon. An uair a nithear an dealanach air an doigh so, tha comas aigesan a ta 'gabhail curaim deth air a dheanamh lag no laidir a reir a thoil fein. Leis an iuchuir ud 'na làimh tha e cur an dealanaich troimh nan cuibhreachan, agus tha na cuibhreachan sin a' gluasad nan lamh beaga ud a chunnaic thu, agus a' comharrachadh a mach litrichean àraidh a ta, mar sin, a' deanamh suas bhriathra na teachdaireachd. Tha cumhachd an tein'-adhair sin a' ruith air na slataibh a' ruigheachd ann am priobadh na sùla nan ionadan a's faide air falbh dh' ionnsuidh am bheil an teachdaireachd a dol, agus an sin a' cur làmhnan eile air ghluasad a chuireas an teachdaireachd air ball an céill. Ach cha 'n fhuaradh sin a

mhìneachadh le briathraibh, a's eugais sealladh nan sùl.

C.—Is miorbhuileach an ni cumhachd a bhi aig duine peacach, dall, aineolach thairis air dealanach nan speur, agus seirbhiseach a dheanamh dheth. Dh' aindeoin gach cùis, tha 'n duine 'n a chréutair innleachdach.

M.—Ro cheart, a Choinnich, ach cha 'n eil sinn ach 'n a thoiseach fhathast, oir gun teagamh meudaichear an innleachd sin gu mor là eigin, oir tha nithe ùra 'g am faighinn a mach gach là. Am bheil fios agad gu 'm bheil gnè dhealanaich ach beag anns gach ni mu 'n cuairt duit. Gabh cat ann an seòmar dorch, agus sliob sios bian a dhroma gu cruaidh re mionaid na dha, agus a ris grad-shuath e an aghaidh a' chuilg, agus chith thu sradan teine a' boisgeadh as a dhruim, agus is gnè dhealanaich a ta an sin.

C.—Is miorbhuileach gach ni a ta ann! Co a's urrainn an gabhail gu leir a steach! Ach ciod mu 'n toit-chumhachd?

M.—Tha thu fein eolach air an toit-chumhachd leis am bheil na luingeasan air an greasadh, na h-eich-iaruinn air an gluasad, na h-achan air an treabhadh agus air am buain, na h-éudaichean de gach gnè air an sniomh agus air am figheadh,—na leabhraichean air an clòdh-bhualadh,—agus na muillnean de gach gnè air an greasadh. Tha 'n toit-chumhachd mar so 'g a fhoillseachadh fein fo mhìle riochd, agus 'g a chleachdadh chum ach beag gach obair agus ealaidh a chur air an aghaidh. Na 'n togadh do sheanathair a cheann as an duslach, ciod a theireadh e an uair a chitheadh e na carbadan a' ruith gun eich,—na h-àchan 'g am buain le cumhachd teine agus uisge,—agus na longan a' ruith air chuibhleaich, agus a' grad-shiubhal gun sheòl, gun ràmh, an aghaidh an t-sruth agus na gaoithe? Is cinnteach gu 'n abradh do sheanathair còir gu 'n robh làmh aig do chairdibh, na sithichean, anns a' ghnothuch, agus gu 'n robh barrachd na cumhachd talmhaidh air fhoillseachadh anns a' chùis.

C.—Tha mi fein a' deanamh gnè thuigsinn air an toit-chumhachd, oir is minic a cuunnaic mi, an uair a bhiodh Seònaid a' goil a' choire dhuibh, air son drùbhaige dhe'n tì a dheanamh 's a mhaduinn, nach b' fhurast an ceann a chumail air a choire le cumhachd na toit.

M.—Tha thu glé cheart, oir is ann le coire beag mar sin a fhuaradh an cumhachd sin a mach an toiseach.

C.—Ach ciod mu'n ghas-sholus? Chunnaic mi fein e 's na bailtibh-mora, agus gu cinnteach cha d' thug mi mo bheannachd air.

M.—Ud! ud! ciod so a dh' éirich dhuit, a charaid?

C.—Ciod a dh' éirich dhomh! Innsidh mi sin, ach na dean gaire rium, a ghràidh nam fear. Gun teagamh air oidhche àraidh theab e an gnothuch a dheanamh orm. 'N àm dhomh a bhi ann an Glaschu maille

ri Sir Séumas, tha cuimhn' agad, air an turas a thug sinn a dh-Eirinn, chuireadh a steach do sheòmar àluinn cadail mi, far an robh lasuir mhor dhe'n ghas, mar sgiathan eoin, a' gabhail gu soilleir. An deis dhomh mo bheannachadh fein, agus ochan! is ann agamsa a bha feum air beannachadh o'n Airde an oidhche sin, shéid mi as an solus, agus thilg mi mi fein 's na plaideachaibh; sheid mi gu grad as e, mar a b' àbhaist domh coinnlean geire nam molt a chur as, agus thug mi mo leabuidh orm. Ann am meadhoin na h-oidhche, bha mi 'n impis mo thachdadh; dh' éirich mi, ach cha robh anail agam, agus thòisich mi air gleadhraich a dheanamh air feadh an t-seòmair, a' tilgeadh nam bòrd thairis, a' briseadh nan soithichean-ionnlaid, agus a' fairtleachadh orm dorus no uinneag fhaotainn thall no bhos. Bha mo cheann 'na bhreislich, agus bhuaill mi an t-urlar gu cruaidh air son furtachd. Mu dheireadh, dh' fhosgail neach eigin an dorus, agus ghlaodh e mach—*Gracious goodness! what is this?*—Ghlaodh e *gas, gas*—agus ged a bha esan mar an ceudna, an impis a thachdadh, rug e air ghualainn orm, agus threòraich e mi gu ceann na staidhrach, ruiste mar a rugadh mi, agus dh' fhosgail e na h-uinneagan air ball. Bha 'n t-àite dubh, dorch, agus gaoth fhuar a' seideadh air mo choluinn ruisgte. Dh' innis e dhomh gu'm bithinn ann an siorruidheachd na'm biodh esan lethuair eile gun tighinn a steach, agus gu'm biodh an tigh air a sheideadh suas mar le fùdair, na'n tugteadh coinneal laiste do'n t-seòmair.

M.—Fhuair thu cuimhneachan air cumhachd an t soluis sin, a Choinnich, a leanas riut am feadh is beo thu, oir is caol a thearnadh thu gun teagamh. Tha fios agad gum bheil an *gas* air a dheanamh as a ghual. Gabh piob-thombaca le cois fhada, agus lion sòrn na pìoba le gual gu min air a phronnadh, agus còmhaich e le potaig de chreadhaidh air a h-oibreachadh gu reidh. Càraich ceann na piob anns an teine, a' fàgail na coise dìreach a mach. Ann an ùine ghoirid chith thu ceò a' bruchdadh a mach as a' chois, agus ma chuireas tu teine ris, loisgidh e gu soilleir, agus bheir e deagh sholus uaithe. Is ann air an doigh cheudna, uime sin, a nithear an *gas* ann an tomhas mor chum na bailtean a shoillseachadh, mar a chith thu iad anns gach àite.

C,—Moran taing dhuit, a Mhurachaidh, is iongantach an t-eòlas a ta air a sparradh 's a cheann sin agad, agus cha'n fhios domh idir ciamar a rinn thu greim air. Ach ciod a nis mu dhealbh-tharruing na gréine, a ta co iongantach ri aon de na h-innleachdaibh a dh' ainmicheadh leat a cheana?

M.—Ma tà, a Choinnich, cha'n fhurasda dòmhosa sin a mhineachadh dhuit, a chionn nach 'eil mi fein 'ga thuigsinn gu soilleir. Goirear anns a' Bheurla *“Photography”* ris;—focal a ta 'ciallachadh *“Sgriobhaidh,”* no *“Tarruing”* le solus na gréine. Tha clàran beaga gloine ceithir-shliosnach air an ullachadh, agus air an ionnlad ann an géur-shùbh làidir, agus tha aon de na gloineachaibh sin air a shuidheachadh ann am bocsa cosmhuil ri gloin-amhairc. Suidhidh an ti a tharruingear fa choinneamh a' bhocsa so, le 'shuil air a ghloine,

agus air do 'n dealbhadair a bhi 'n a sheasamh air an taobh eile dhe 'n bhocsa, tha e 'togail suas spéilean, no dorus beag, chum solus na gréine a leigeadh a stigh do'n bhocsa. An sin, ann am priobadh na sùla, tha 'n dealbh air a nochdadh air a' ghloine, ach tha 'n dealbhadair gu grad 'ga spionadh air falbh gu seomar dorcha, agus 'ga thilgeadh ann an stuth araidh leis am bheil an dealbh air a cho'-dhaighneachadh air a' ghloine. Tha 'n dealbh sin a rìs air a chlàdh-bhualadh bhar na gloine air paipear tana, agus tha 'm paipeir sin air a ghlaodhadh air cairt làidir ghil, chum a ghleidheadh tearuinte, agus tha 'n dealbh an sin deas.

C.—B'e sin d'a rìreadh an obair eagnuidh, iongantach, agus is firinneach a nochdas e riochd, agus aogas an duine. Thug Sir Séumas a dhealbh do Sheònaid an là roimhe, agus cha b' urrainn ni sam bith coslas an Ridire a nochdadh na's fearr. Cha'n 'eil fiù gaoisdean air a mhalaidh nach fhaicear an sin gu soilleir, agus tha fuilteanan a chinn gu riochdail air an leigeadh ris. Is anabarrach an innleachd e.

M.—Tha mi 'creidsinn sin uile, a Choinnich, ach a nis, o'n thug an duin'-uasal còir sin air Feill-Mo-Chalmaig na cùig buinn òir dhuit, glac a' cheud chothrom chum aon diubh a chur a mach ann an dealbh far an nochdar thu fein agus Seonaid, agus an òigridh uile, 'nur n-aon chomunn air aon chairt.

C.—Cha dearmaid mi do chomhairle a ghabhail, a Mhurachaidh, oir is taitneach teaghlach fhaicinn uile cuideachd mar sin, air da a bhi 'n a ni cinnteach gu 'n sgapar iad am fad 's am farsuing ann an ùine ghairid.

M.—Tha bean-an-taighe 'g ar n-iarraidh, a ghràidh nam fear, agus is còir duinn dol a dh' fhaicinn ciod a th' aice air ar son.—ALASDAIR RUADH 'sa Ghaidheal.

Bha caileag bheag aon latha a' ruith sìos an t-sràid agus thuit i 's ghearr i a ceann air cloich. Chaidh seana bhean chòir 'ga togail 'si 'g radh aig an àm cheudna, "A nighean bhochd, nach ann dhut a dh' éirich e." "Cha 'n e nighean bhochd a th' annam," arsa chaileag, 's i tiormachadh a sùilean, "tha airgead gu leòr aig m' athair 'sa bhanca."

Ma tha thu air son am MAC-TALLA a phàigheadh romh 'n Bhliadhn' Uir, no air son cur g'a iarraidh as ùr, na cuir an còir dàil anns a' ghnothuch. Cha 'n eil againn dhe 'n bhliadhna so ach aon seachdain eile.

Cha 'n eil iomradh air ni troimh uile linn-tean an t-saoghail air am measaile daoine na misneachd. Esan a tha treun tha càirdean aige daonnan, ach cha 'n eil caraid idir aig a' ghealtair.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.

Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math
is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's
saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 208]

[Vol. 6. No. 26. p. 8]

Am Bruadar Innseanach.

AIR FONN:--Feasgar Luain.

Air dhomh-sa tuiteam trom 'an suain,
Gu 'n bhruadar mi mu Thir an Fhraoich,

Ge fada bhuan air ard a' chuain,
'An ceannan tuath, bha tir nan laoch;
'S gu'm facas leam 'na m' aisling bard,
Ro aosd air fas le ciamhag liath,
'S air-leam gu 'h thog e 'ghuth gu h-ard,
Ri gul gun tamh 's a' caoidh nan triath.

'Na aonar leig e 'throm air bát,
'S gu cianal chiom e sios e-fein,
Ri gabhail soraidh ris gach àit,
A b' aillidh leis na àit fo 'n ghrein;
Gu 'n chuimhnich e na laithean cian,
A thriall a null 's nach till a chaoidh,
'S gu 'n cuala mi am bard fo phian,
Mar so ri deanamh bron us caoidh:-

(CAOIDH A' BHAIRD).

O thir mo ghraidh, thir ard nam beann,
'S tu 'n tir a b' annsa leam bho thùs,
'S an tric a thriall mi cnoc us gleann,
Mas d-fhas mo cheum cho mall gun lùghs;
'S e lion mo chridhe lan de bhron,
Bhi faicinn fearann coir mo ghaoil,
Air fas cho lom le feidh 's le eoin,
'S an sluagh 'n am fograich bhochd fo sgaoil.

Tha 'n sluagh nach striochdadh riamh do namh,
A nis air falbh do chearnan cein,
'S tha cearcan-fraoich 'an aite-tàmh
Nan Albannach 'bha calma, treun;
Na glinn 'bu roghainn leam thar cach,
Gu tur dol fas fo choill gun bhrigh,
'S och, och, nach fhaic mi chaoidh gu brath,
An dream a dh-fhag fo leon mo chri'.

Cha b' armailt bhorb a nall thar sàl
Thug buaidh 'am blàr no sharuich sinn,
Oir riamh cha d-fhuairleadh siol no àl,
Bu chalm' air blàr bho linn gu linn;
Cha b'e-ach sionnaich mhosach, bhreun,
A bhrath a' Ghaidhealtachd do Ghoill,
'S a mhill 's a mheall na Gaidheal threun,
Le laghan eucorach luchd foill.

B 'e uachdarain gun iochd, gun truas,
A sgap an sluagh bho chuairt nam beann,
'S na slaughtearan bha lan de chruas,
'G am fuadach as gach cluainn us gleann;
Mar Iudas lubach, lan de cheilg,
Gu 'n ghlac iad coir ail roinn 's air raoin,
G' an reic le foill do lamh luchd seilg,
Chum faighinn seilbh air moran maoin.

Mor mhallachd bhuan gu 'n robh ri tamh,
Bho cheann gu sail nam mearlach bhreun,
'G an leantuinn dluth gach taobh us lamh,
'S an dàin dhoibh tamh no triall fo 'n ghrein;
'S mar bhuin iad fòs ri bochdan truagh,
'S ri dilleachdain, gun truas, gun bhaigh
Mar sin gu 'n tuiteadh sios an snuadh,
'S an cridhe cruaidh, le brón us craidh.

Air leam gu 'n cluinn mi ghaoth gu binn,
Mar cheol ri seinn tre ghlinn mo chri',
Gach sruth gun tamh ri caoidh na suinn,
A thriall air tuinn 's nach till a chaoidh;
Tha 'n uiseag bheag do 'n ciuine ceol,
'S an smeorach bhoichd gu tursach, fann,
Ri gul 's a' caoidh na suinn a sheol,
'S nach till ri 'm beo gu Tir nam Beann.

'Na m' aonar tha mi caoidh a ghnath.
An dream a b' abhaist comhnadh leam,
Ach 's fada bhuan a dh' fhaibh gu brath,
An dream nach fhagadh m' inntinn trom;
'S mar sin cha-n 'eil cionfàth fo 'n ghrein,
Ni m' anam eibhinn a so suas,
Gu 'n tig am bàs 'am ionnsuidh fein,
Le 'shaighdean guineach, geur, gun truas.

O, failte, Bhàis; O, failte, Bhàis.
Gur fearr am bàs leam na bhi beo,
Oir ni e saor mi bho gach càs,
Tha fagail m' anam trom fo sgleo;
Oir cha-n 'eil agam gion no gaol,
Do ni 's an t-saoghal mhealltach, bhreun,
Bho dh-fhalbh a null thar cuan us caol,
An dream bu chaoin 's bu chaomh leam fein.

Cha-n iognadh ged tha m' inntinn trom,
'S nach tog mi fonn air oran binn,
'S mi nis air fas cho lag 's cho lom,
'S gur coma leam-sa ceol a sheinn;
Oir dh-fhalbh mo roghainn as an tir,
'S 'n an àit tha ciobairean us Goill,
'S cha b' aill leam fein a riamh, gu fior,
Bhi striochdadh sios do shiol na foill.

Gur cianal tha mi ghnath leam fein,
Mar chailleach-oidhch' air call a h-àl,
Mar Oisein boichd an deigh na Feinn,
Tha mise caoidh na dh-fhalbh air sàl;
Oir dh-fhagadh mi 'na m' aonar truagh,
Mar long air cuan gun chrann, gun seol,
Le cridhe brist' air call mo shnuadh,
Nach eirich suas le duan no ceol.

Cha chluinn mi tuilleadh cainnt nam beann,
A' chainnt a b' annsaidh leam fo neamh,
'S cha-n fhaic mi chaoidh air raoin no gleann,
Na h-oighean grinn ri seinn gu seimh;
'S ma chluinn mi piob, le torman ard,
Bho bhalgairean aig sail luchd-dreuchd,
'S ann thuiteas inntinn throm a' bhaird,
'S a chridhe sgàint le craidh us creuchd.

Ach beannachd leis gach cnoc us sliabh,
'S gach sruth tha triall tre ghlinn mo ghaoil,
Tha m' anail fàs gu fann 'na m' chliabh,
Mo shuilean blian 's mo cheann cho maol;
Tha m' anam tursach, trom, fo chàs,
Gu fann air fas le bron us caoidh,
'S mar sin aig uair us àm mo bhais,
O thir mo ghraidh, slan leat a chaoidh!

* * * *

'An sin gu 'n thuit am bard le sgios,
'S air-leam air ball gu 'n chaill e 'n deo,
'S nuair bhasaich esan dh-fhailnich sios
An Gaidheal deireannach bha beo;
Gu 'n chrom an giubhas sios a cheann,
'S mu thimchioll chruinnich ainglean neamh,
'S gu 'n thiodhlaic iad e 'n Tir nam Beann,
Chum codal trom gu sùthainn, seimh.

Gu 'n chlisg mo chridhe-'s dhuisc mi suas,
Bho 'n aisling suain a bhruadar mi,
'S air ainm mo Dhe 'tha lan de thruas,
Gu 'n d-thug mi luaidh le run mo chri';
Toirt taing do Rìgh na cruinne-cè,
Gu bheil na Gaidheil fathast beo,
'S 'an dochas feadh gach linn us rè,
Gu 'n teid E-fein mar thearmunn leo!

-Luinneagan Luaineach.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B.

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?
Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 209]

[Vol. 6. No. 27. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 31 DESEMBER, 1897. No. 27.

[Dealbh]

Tha MAC-TALLA an dochas gu 'n do chuir a chairdean, na Gaidheil anns
gach cearna, seachad Nollaig chridheil, agus a guidhe dhaibh, le
uile dhurachd a chridhe, BLIADHNA MHATH UR.

Barraidh an Deigh Bliadhna Thearlaich.

A CHARAID.—Tha 'n geamhradh air tigh'n air aghaidh gle mhath, agus
tha 'n t-side gu math fuar agus gaothar; bi an droch shide daonnan a
toirt nam chuimhne na facail a bhiodh daoine o shean ag radha
"Stoirm 's ànradh a dh'fhuadaicheas a ghràisg o'n chladach." 'Sann
bliadhna Thearlaich a thuirteadh na facail so 'n toiseach an uair a

bha na Sasunnaich 's na h-eilainean an iar, air tòir nan gaisgeach bu treise 's bu dìlse a bh'aig Tearlach, air son an cur gu bàs. An treas gaisgeach a b'fhèarr a bh'aig a Phrionnsa, b'e Iain Mac Neill Mac Fhearachair a fhuair àrach ann an eilein Mhiughlaigh. 'Sann 'san eilein sin fhéin a rugadh air a rithist, an deigh do Thearlach teicheadh dha 'n Fhraing; 'se chrochadh a rinneadh air. Bha muinntir an eilein sin fodh chùram agus fo eagal fhad 'sa bha na Sasunnaich air tir air ain eilain; rinn iad call nach bu bheag orra cuideachd. Mharbh 's dh'ich iad sia mhairt air banntraich; 's mharbh iad air càch air a reir. Theich gach duine a b'urrainn teicheadh o'n bhaile, agus bha iad 'gam falach 's na creagean agus anns sa h-uile h-aite a b'fhalachidhe na chéile a b'urrainn dhaibh fhaotain. Theab na Sasunnaich na daoine bochda a chuir gu bas le cion bhidh; dh'ich iad cha mhor am biadh air fad. Bha dithist ghill 'sa chreig 'gam falach Ruairidh Mac Neill 's Mac Iain. O nach robh ach am bàs romhpa 's nan deigh rinn iad air son tigh'n gu baile; choinnich daoine air a rathad iad. "Càite 'n robh sibh 'illeann." "Bha sin a' buachailleachd," ars iadsan. Cha robh an còrr ma dheidhinn. Ghabh iad air aghaidh a dh'ionnsuidh an taighe bu ghiorra dhaibh. Bha'n taigh so làn dhe na Sasunnaich agus poit mhor fheòladh ac' air an teine; bha'n connadh car fliuch 's bha moran toite a staigh, agus se rinn iad sgrath an a thoirt far an taighe os cionn an teine gus an toit a leigeadh a mach. 'Nuair a ràinig na gillean an taigh, dhirich iad suas dh'ionnsuidh an tuill so, fiach de bha dol air aghaidh a staigh. Thug fear aca cistalachadh air fhein 's leag e sgrath mhor 's bhuaill i ann am broinn na poite. Leum steall mhor aise 's loisgeadh na bha m'an cuairt air an tiene 's iad gu dichollach a losgadh connaidh fo'n phoit. "'S tusa rinn sud," ars an darna fear. "Cha mhi," ars am fear eile, 'sa mach air a h-aon diag a thug iad. Dh'éirich iad air a chéile a sabaid 's ag ùpraid, 's theich na gillean 's dh'fhàg iad mar sin iad. Dh' fhan na Sasunnaich ann an eilein Mhiughlaigh fad ceithir seachdainean, gus na thill a soitheach a àite eile; b'e 'n àireamh aca ceithir chiad. Bha eagal air muinntir an àite fad cunntais bhliadhnaichean na dheidh sin na faiceadh iad soitheach a seòladh goirid dha'n eilean. Latha dhe na lathaichean sin, chunnaic iad soitheach seòladh gu cladach an eilein, agus a smaointein gur soitheach Sasunnach a bh'ann, theich gach duine do'n bheinn ach aon fhear a bha bhean aig air a la-shiubhlach 's nach fhalbhadh agus a bhean fhàgail. Bha bean ann aig a robh clò ga luadh, 's theich i fhein 's na mnathan-luaidh 's thug iad leotha an clò 's luaidh iad e, am broinn sluic. Bha Ruairidh Mac Neill 's Mac Iain am mullach beinne os cionn a bhaile gu dùrachdach a' feitheamh air an t-soitheach, bha iad ag radha gum b' fhearr leotha am bàs fhulang (na'n gabhadh Dia ri'n anam) na leithid fhaicinn 'sa chunnaic iad bliadhna nan Sasunnach. 'Se soitheach 'san robh caragu sallainn a bh'ann. Thàinig na seòladairean air tir, agus o nach robh duine aig taigh ach an aon duine, chaidh iad dhachaidh còmhla ris. Dh'fhàg iad briosgaidean aig an té a bha 'san leabaidh; 'se sin a bha annasach 'san àm sin. An ath latha dh'fhas a' ghaoth cho mor air adhaidh 's nach do dh' fhan iad ris an acaire a tharruinn ach an càbull a leigadh as, 's dh'fhalbh iad mar sin fhéin. Goirid na dheigh sin thog muinntir an àite acaire mor an t-soithich a bh' aig Hisgir 's dh' fhalbh iad leis ga reic. Chuir fear ceisd orra de mar a thog iad e; "Thogadh iad Hisgir fhéin 'san àm ud," ars esan.

'Nuair a reic iad e, cheannaich iad buideal uisge-bheatha a bhiodh aca 'nuair a rachadh iad dhachaidh do 'n àite fhein, air son an geamhradh a chuir seachad le spòrs 's le cridhealas. 'Se mar a thachair dhaibh, 'nuair a thòisich iad ri òl, cha robh uibhreachd aca s gur dheth, bha iad ag òl a dh' oidhche 'sa latha, gus nach robh duine anns an àite nach robh air an daoraich. Chaidh lathaichean na seachdain iomrall orra, ach chuimhnich cuid-eigin gur e Di-dònaich a bh' ann, agus gum b'e 'n dleasdanas an t-seirbheis àbhaisteach a dheanamh; thuirt iad gu leir gu robh e ceart. 'Nuair a bha 'n t-seirbheis a dol air aghaidh, ghabh fear dhe na bha 'sa chuideachd, 'se 'g éighach le guth àrd, ceathramh òrain; thug e fhein an sin an aire dha rud a bha e 'g radha, 's rinn e air a shocair, ach dh' éibh fear eile ris le guth laidir "Masg romhad mar a th'agad." Thachair rud eile coltach ris a sud, ann an eilain eil nach robh fada uaithe, (cha'n ann a mhearachd ainme) uair a fhuair iad togsaid ruma air a chladach, thachair gun deach duine air chuairt suas taobh a deas an eilein Mhiughalach, 's thug e 'n aire gu robh na beathichean 'san arabhar 'san eilein eile (cha robh ach caolas beag eatorra), agus nach robh duine ri fhaicinn a muigh air dorus. Air an la màireach chaidh duine eile suas bheinn a deas air torachd chaorich, 's chunnaic e gu robh na beothaichean 'san arabhar 's gun duine ri fhaicinn a muigh na's mutha na bha'n dé. An treas latha chaidh gillean tapaidh tarsuinn a chaòil le bàta fiach dé bha cèarr; fhuair iad na daoine air fad na'n sìneadh gun rionnag, air na stealla duibhe daoraich, agus an togsaid ruma na'n teis-meadhain. Thainig air na gillean gu'n do ghabh iad fhein an daorach 's nach robh iad uile-gu-leir comasach air tilleadh dhachidh. Cha robh àite freagarrach aca air son pairt dhe 'n stuth a thoirt leotha, agus 'se rinn iad, lion iad na poitean air fad leis an stuth, 's thug iad leo e, 's chuir iad air an daorich a h-uile duine a bha san eilein aca fhéin. Bha iad da latha ma'n do smaointich iad air biadh a dheasachadh, leis na dh' òl iad dhe'n deoch, ach 'na dheigh sin, cha robh sgial ac' air poit, air son a dheasachadh; cha robh fios dé dh' eirich dhaibh, ach chuimhnich cuid eigin an sin gu robh iad ann am Miughlaigh. 'Se chiad obair a sin a rinn iad a dhol a dh'iarraidh nam poitean, 's bha na daoine còir gaisgeil sin gun bhiadh gus na thìll iad. Faodaidh sinn a thuigsinn gu robh na daoine a bh'ann 'san àm ud na's treise na gu leòr a th'ann an duigh. 'Sann 'san eilain a thachair so, a tha'n duine mòr ris an canadh na Sasunnaich, <eng>The giant of the Rocky Mountains.<gai> 'Sann a fhuair e bhreth is àrach 's tha e fuireach ann fhathast. Cha 'n eil duine am Breatunn cho àrd ris; 'se aon fhear a muinntir na h-Earadh a's giorra theid dha. Tha e na dhuine làidir agus na dheagh lamh fheuma. Bidh mi s gur an dràsda ma'm bi luchd-leughaidh MHIC-TALLA a fàs sgìth dha'm sheanachas, Is mi do charaid dileas,

RUAIRIDH.

Miughlaigh, am Barraidh.

[TD 210]

[Vol. 6. No. 27. p. 2]

Mu na Seann Ghaidheil.

LEIS AN URR. <eng>D. B. BLAIR, D. D.,<gai> NACH MAIREANN.

I.

Tha na Gaidheil Albannach a' creidsinn agus a ghnath a cumail a mach gur h-iad fein sliochd nan seann Ghael an dream iomachliuiteach oirdhearc sin a bha le buaidh a dion an dùthcha o na h-armailtibh Romanach a thug ionnsuidh air a toirt fo chis; agus ged a bha cinn-fheadhna ghaisgeil 'nan ceannardaibh air na h-armailtibh lionmhor, treun ud, sheas na Gael 'nan aghaidh, gus an do choisinn iad buaidh, agus am b' eigin do na Romanich teicheadh agus an cuid armailtean a tharruinn air falbh as an tir. Ach cha bhuin an onoir so do Ghaidheil an là an diugh, mur eil e fìor gur h-iad iarmad agus sliochd an t-sluaigh sin ris an abradh na seanachaidhean Romanach Caledonii, agus an deigh sin Picti, ainm a bha air a chumail suas fad cheudan bliadhna leis an luchd-eachdraidh a sgrìobh an Laidinn mu thimchioll luchd-aiteachaidh ceann tuath na h-Alba.

Tha a' cheud chunntas firinneach againn mu Albainn agus a luchd-aiteachaidh anns an eachdraidh a sgrìobh Tacitus mu bheatha agus mu chogadh athar-ceile Agricola, ann am Breatuinn. Thoisich an cogadh so mu bhliadhna ar Tighearna 77, agus lean e gus a' bhliadhna 85. Air tus ghabh Agricola da bhliadhna a' ceannsachadh nan Gael a bha anns na duthchannaibh a tha gu deas air Struilea agus Cluaidh; air an treas bliadhna rainig e gu tuath cho fada ris an amhainn Tabha, agus chuir e suas tri campan anns a' ghleann ris an abrar Srath-Eirinn ann an Siorramachd Pheairt; bha aon champ aig Ardachaidh gu deas air Mauthaill agus Craoibh; bha camp eile fagus do Chuimridh, agus an treas camp dlu air an aite sin anns am bheil baile Pheairt 'na sheasamh. Air a' cheathramh bliadhna bha Agricola a daigheachadh laghannan agus a' cur rian air na h-aiteachaibh a ghlac e. Air a' choigeamh bliadhna bha e anns an earrainn sin de 'n dùthaich a tha mu choinneamh Eirinn ris an abrar a nise Galloway agus Siorramachd Ara. Air an t-seathamh bliadhna chaidh e rithist gu tuath air Struilea agus nuair a ghluais e an armailt as na tri campaibh thug na Caledonaich ionnsuidh air an naoidheamh legion air an d' rinn iad milleadh mor. Chaidh na Romanaich air an adhart gu tuath a' creach' na tire anns gach aite, agus an sin chruinnich feachd Chaledonia uile gu cath 'nan aghaidh fo iul an rìgh no a' cheannaird chluitich sin d' am b' ainm Calgacus no Colgach. Tha ainm a' chinn-fheadhna so a' dearbhadh gum bu Ghaidheal gaisgeil a bha ann, oir co an Gael nach tuig cìod a tha air a chiallachadh le "colgach" no "colgarra," agus tha e cosmhuil gum bu duine colgach, foghainteach an gaisgeach treun ud a reir an iomraidh a sgrìobh Tacitus mu thimchioll. Chuireadh an cath so aig sliabh ris an canar leis an eachdraiche Laidinn, Mons Grampius, ainm a dh' fhaodas a thighinn o'n fhocal Ghailig, am "Monadh Garbh," agus a tha ro fhreagarach mar ainm air na garbh-bheanntan sin a tha a' toiseachadh am braighe Aber adhain agus a' sineadh a mach eadar Siorramachd Pheairt agus Siorramachd Inbhir-nis. Bha feachd Chaledonia mu thimchioll deich mìle fichead saighdear a reir briathran "Thaichituis," ni a tha dearbhadh dhuinn gun robh an tir air a lionadh le luchd-aiteachaidh aig an àm ud. Gum

bu Ghaidheil iad tha sinn a lan-chreidsinn, agus gun do labhair iad Gailig mar a labhrar air an là an diugh le 'n sliochd ann an tìr nam beann tha sinn a' cumail a mach gu dana, agus bheir sinn oidhirp air a' phuing so a dhearbhadh leis na h-argumaidibh agus na comhdaichean a leanas.

Ged a bhuadhaich na Romanaich anns a' chath a chuir iad ri feachd Chaledonia aig a Mhonadh Gharbh, gidheadh cha robh an nì gu mor bhuannachd dhoibh; oir tha Tacitus ag radh gun do phill Agricola air ais le "triall mall" <eng>(lento itinere)<gai> a chum an armailt a chur ann an cairtealaibh-geamhraidh anns na campaibh a shuidhich e an Srath-eirin ann an siorramachd Pheairt. Air an ath bhliadhna, se sin an seachdamh bliadhna bha Agricola ann am Breatuinn, chaidh a ghairm air ais leis an Impire Domitian, agus an sin chaill na Romanaich na choisinn iad ann an Caledonia.

Mu 'n bhliadhna 120 thainig an t-Impire Hadrian do Bhreatuinn, ach an aite an earrann sin de Chaledonia a chosnadh air ais a bha aig na Romanaich ri linn Agricola, 's ann a b' eigin da balla mor tota no fail a chur suas eadar an t-aite ris an abrar a nise Carlisle agus an Caisteal Nomha, a chum fineachan Chaledonia a dhruideadh a mach o'n mhor-roinn Romanaich ann am Breatuinn a' chinn' Deas. Mu 'n àm so sgrìobh Ptolemaidh ann an Alexandria, Leabhar-Cruinne-Eolais ann an Greugais anns am bheil e a' labhairt mu Chaledonia mar dhùthaich lan choilltean, agus ag radh Caledonich mar ainm ri luchd-aiteachaidh na tìre. Mar is e Tacitus a cheud sgrìobhair anns am faighear an t-ainm Caledonia air a radh ri ceann Tuath Bhreatuinn, is amhuil sin is e Ptolemaidh a cheud fhear a tha gnathachadh an ainm Caledonaich gu bhi ciallachadh an t-sluaigh leis na h-Eachdraichibh Romanach, oir tha Dion Cassius, a sgrìobh Eachdraidh na Roimhe mun bhliadhna 230, ag radh, "Gun robh an t-Impire Commodus a' cogadh 'nan aghaidh agus ann an laithibh an Impire Septimius Severus cha do sheas na Caledonaich ris na geallainnibh sìthe, ach dh' ullaich iad a chum na Maigh-aitich a dhion agus o'n a bha Severus a' cogadh ann an ait' eile, b' eigin do Verrius Lupus, an ceannard-airm Romanach, sìth a cheannach o na Maigh-aitich le suim mhoir airgeid a phaigheadh."

Tha e coslach gum b' iad na Maigh-aitich so an sluagh a bha a comhnaidh ann am Machair Alba ann an Siorramachd Fiofa agus an dùthaich mu dheas ris an abrar a nise <eng>Lothian, Berwick<gai> agus gu crìch Shasuinn. An deigh sin mu 'n bhliadhna 207, tha Dion ag radh gun deachaidh an t-Impire Severus do Chaledonia los an tìr a cheannsachadh agus a thoirt fo chis, ach choinnich e ri cruadalaibh ris nach robh fiughair aige o na coilltichibh, na càrraichibh-mointich, agus o na h-aimhnichibh a thachair air, agus o shluagh na tìre a bha leum air a shaighdearaibh gun fhios anns na bealaichibh cumhang, gus an do chaill e mu thimchioll leth-cheud mìle fear-cogaidh. Cha deachaidh e na b' fhaide gu tuath na muir Inbhir-nis, an caol Muireach, agus nuair a rainig e sin bu bhuidhe an tapadh leis tilleadh air a shail cho luath 'sa b' urrainn do chasan a thoirt as. Tha e air a radh gun robh Fionn mac Chumhail ann an laithibh oige a' cogadh ris an Impire so, oir tha Oisean ag radh gun robh e cogadh ri Caracul mac Rìgh an Domhain aig amhainn Charuinn,

agus gun do “theich na coigrich a b’ airde guth, Caracul ’s a shluagh, gu bhi sgaoileadh an sgiath an tìr thall.” Tha e coslach gum b’ e Caracul so, Caracalla, mac an Impire Severus, ris an robh Fionn a’ cogadh; ma ’s e feuchaidh sin dhuinn an linn anns an robh gaisgich na Feinne beo.

Mun bhliadhna 208 tha Dion ag radh gun do thog Severus balla mor àrd làimh ri Fal Hadriain, a chionn gun d’ fhairtlich air Caledonia a cheannsachadh. B’ e so am balla bu mho thog na Romanaich agus bha e ’na chrìch eadar iad fein agus fineachan Chaledonia.

II.—NA PICTI, NO DAITHTICH.

Roimh dheireadh na treas linne cha robh ainm sam bith eile ach Caledonaich air luchd-aiteachaidh Ceann tuath Bhreatuinn aig na h-Eachdraich bh Romanach. Ach mu’n bhliadhna 296 thugadh ainm nuadh orra, ’se sin “Picti,” na Pictich, no Daithtich, no a mhuinntir Dhaithte. B’ e Eumenius an Cainntear a chleachd an t-ainm so air tus anns an Oraid chliuthachaidh a rinn e do Chonstantius Chlorus air son na buaidh a thug e air an traoiteir Alectus. Air dha labhairt mu na Deas Bhreatunnaich thubhairt e “Os barr bha an cinneach aineolach aig an am sin, agus a chionn nach b’ aithne do na Breatunnaich ach na Picti agus na h-Eirionnaich a mhain naimhdean leth-ruisgte, uime sin gheill iad gu furasda do airm agus do bhrataich nan Romanach.” Gum b’ iad na Picti so an t-aon sluagh ceudna ris na Caledonaich tha Eumenius so fein a’ nochdadh gu soilleur anns an oraid a rinn e air beulaobh an Impire Constantin mac Chonstantius anns a’ bhliadhna A D. 309. Nuair a mhol e Constantius d’ a mhac thubhairt e, “Nach bu deoin leis coilltichean agus catharraich-mointich nan Caledonach agus nam Picteach eile a ghlacadh, no eadhon

[TD 211]

[Vol. 6. No. 27. p. 3]

Eirinn a bha fagus air laimh, no eilean Thula a bha fad as.” Tha e dearbhadh gun robh cogadh aig na Deas Bhreatunnaich ris na Picti roimh theachd Iulius Chaesair, agus a’ feuchainn an dealachaidh a bha eadar Caesar agus Constantius. Agus nuair a tha e ag radh gun robh na Picti leth-ruisgte freagraidh an t-iomradh so gu math do na Gaidhil sgeadaichte leis an fheile-bheag.

Tha e coltach gun d’ thainig an t ainm Picti o’ n chleachdadh a bha coitcheann am measg seann luchd aiteachaidh Bhreatuinn, oir tha Iulius Caesar ag innseadh gun robh iad ’gan dath fein le dath liaghorm a chum an aogus a dheanamh na b’ eagallaiche ann an àm cogaidh; agus tha Herodian ag radh mar an ceudna gun robh na Caledonaich uile Daithte ri linn an Impire Severus nuair a chaidh e gu tuath sa’ bhliadhna 207. Tha am Bard Claudian mar an ceudna ag radh “Nach ann cearr a bha an t-ainm Picti” <eng>(Nec falso Nomine Picti), <gai> a ciallachadh gun robh an t-ainm freagarrach dhoibh a chionn gun robh iad air an dath, oir tha am facal Laidin Pictus a’

ciallachadh “daithte.” Tha e ro choltach gun do lean na Gaidhil Thuathach air a’ chleachdadh so, a bhi ‘gan dath fein sa’ chogadh, an deigh dhoibh sgur dheth ann an ceann a Deas Bhreatuinn, ni a thachair co luath sa cheannsaicheadh an tir leis na Romanaich, agus gu h-araid an uair à thainig an creideamh Criosduidh a steach do ’n Eilean. Os barr tha am Bard Claudian a’ feuchainn dhuinn an doigh anns an robh an dath so air a dheanamh, eadhon le roinn bhioraich iarruinn leis an robh an craiceann air a tholladh agus an dath air a chur a steach anns na lotaibh, <eng>“ferroque notatas perlegit enangues Picto moriente figuras.”<gai> “Leugh e cruthan neofhinelteach air an dealbh le iarunn, air corp marbh a’ Phictich.” Mu’r h-ann o ’n chleachdadh so a fhuair iad an t-ainm cha’n eil e soilleur cia bhuaithe a dh’ eirich e, oir cha’n ’eil focal sam bith cosmhuil ris anns a’ Ghailig Eirinnich no Albannaich o’ ’m faodadh an t-ainm Pictich a bhi air a radh ris an t-sluagh. Agus cha’n ’eil dearbhadh sam bith gun robh an t-ainm so air a radh riutha leotha fein no leis a’ chuid eile de mhuintir dhuchasaich Bhreatuinn.

III.

O na nithibh a dh’ ainmicheadh faodar a thuigsinn gum b’e an t-aon sluagh ceudna a bha air an ciallachadh leis na Romanaich nuair a sgrìobh iad mu na Picti agus na Caledonich: oir nuair a tha Dion ag radh Caledonaich riutha mu ’n bhliadhna 230, agus Eumenius ag radh an ainm Picti riutha mu ’n bhliadhna 296, cha ’n eil e cosmhuil no idir comasach ann an uine shea bliadhna agus tri fichead (66) gum biodh an sluagh sin a chog ri Agricola aig a’ Mhonadh Gharbh agus a thug dulan do armailtibh nan Impirean Romanach Hadrian, Antoninus Commodus, Septimius Severus agus Caracalla fad corr agus ceud bliadhna-air an gearradh as gu h-obunn no air am fuadach as an tir le sluagh ur a thainig a stigh nan ait ris an abradh na Romanaich Picti mar ainm. Tha e soilleir gum b’ iad na seann Chaledonaich fein a bha ann, agus nach robh ni ur sam bith ’nam measg no mu ’n timchioll ach an t-ainm nuadh ud a thugadh orra o’n aobhar a chaidh aithris. Agus tha Eumenius a’ dearbhadh so dhuinn nuair a tha e ag radh “Caledonich agus Pictich eile,” oir tha e a’ ciallachadh gun robh na Caledonaich nam Pictich maille ris gach dream eile a bha air am filleadh a stigh fo ’n ainm sin. Tha e cosmhuil gum b’e an t-ainm leis an robh iad air an comharradh a mach leis na seanchaidhibh Eirionnach “Cruithnich,” oir tha iad ag radh gun robh a’ chuid bu mho dhe Albainn air a h-aiteachadh leis na “Cruithnich” agus air a riaghladh leo. Agus tha na Welshich ag radh <eng>“Gwyddyl Ffichti”<gai> riutha, se sin Gaidhil Phicteach, no Gaidhil Dhaithte, a’ ciallachadh gun robh iadsan a’ tuigsinn gum bu Ghaidhil na Pictich, agus a reir coslais thug iad an earrann mu dheireadh de ’n ainm o’n Laidinn a chum an dealachadh o na Gaidhil eile nach robh air an dath.

Mu thimchioll na bliadhna 360, tha ainm nuadh air a thoirt air cuid do na fineachaibh Gaelach ann an ceann Tuath Bhreatuinn. B’e an t-ainm sin “Scoti,” agus is e an t-Eachdraiche Romanach, Ammianus Marcellinus, a’ cheud ughdar leis am bheil an sluagh ud air an ainmeachadh mar so. B’i Eirinn tir an dùthchais, agus thainig iad a

nall á sin do thaobh an iar na h-Alba ann an Earraghael, a chuideachadh le 'm briathraibh, na Gaidhil Albannach anns a' chogadh ris na Romanaich mu 'n bhliadhna 363, ri linn nan Impirean Iulian agus Iovian. Agus a reir coslais dh' fhuirich cuid diubh ann an Earraghael far an d' fhuair iad tuineachas am measg nan Gael, an uair a phill a' chuid eile dhiubh dhachaidh do Eirinn an deigh a' chogaidh; oir tha Gildas, seann eachdraiche Breatunnach a sgrìobh mu 'n bhliadhna 550, ag radh gun "do phill na creachadairean ladurna Eirionnach dhachaidh." Agus tha Isidore, a sgrìobh mu 'n bhliadhna 600, a' dearbhadh gum b'e Eirinn fearann dùthchais nan "Scoti," oir tha e ag radh, <eng>"Scotia eadem et Hibernia," <gai> &c. 'Se sin an Gailig, "Scotia an aon tir ri Hibernia," agus fhuair i an t-ainm so do bhrìgh gu bheil i air a h-aiteachadh le fineachaibh nan 'Scoti;' cha 'n eil e soilleir cia bhuaithe thainig an t-ainm so; tha cuid ag radh gur h-ann o'n fhacal "Scuite" a thainig e, a tha ciallachadh 's a Ghailig Eirionnach, "Na Falbhanaich no siubhlanaich, no na Fuadanaich." Tha cuid eile ag radh gun d' eirich e bho 'n fhacal Sgaoth, agus gun abairteadh Sgaothaich riutha do bhrìgh gun robh iad a falbh comhladh mar sgaoth bheachan. No faodaidh gun d' thainig e o'n fhacal 'sgiot' a tha ciallachadh sgap, agus gun abairteadh "Sgiotaich" riutha, a chionn gun robh iad air an sgiotadh no air an sgapadh thall 's a bhos. Ach ciamar sam bith a fhuair iad an t-ainm so tha e soilleir gum bu Ghaidhil iad agus gum b'i Eirinn tir an dùthchais; agus nach robh dealachadh sam bith eadar iad fein agus na Picti, ach 'an dealachadh ceudna a tha an diugh ri fhaicinn eadar na Gaidhil Eirionnach agus na Gaidhil Albannach. Agus tha Adhamhnan a sgrìobh beath-eachdraidh Chalum-Chille a' nochdadh so gu soilleir nuair a ta e ag radh gun d' thainig Calum Cille á Scotia Bhreatunn, 's e sin á Eirinn gu taobh tuath na h-Alba. Tha an t-Eachdraiche Bede mar an ceudna a' daingneachadh an ni so; oir tha e ag radh, "'S i Eirinn gu h-araidh dùthaich nan Scoti." Leabh. I. Caib. 1.

Mu 'n bhliadhna 506, thainig trì buidhnichean de na "Scoti," a nall á Eirinn fo thri cheannardaibh, agus ghabh iad comhnuidh ann an Earraghael. B'iad na Cinn-fheadhna ud Fearghus, Aonghus agus Lathurna. Ghabh Fearghus sealbh air Cinntire, ghlac Aonghus Eilean Ile, agus rinn Lathurna greim air a fhearainn sin a dh' ainmicheadh Lathurna as a dheigh fein. Chaidh Fearghus a chrunadh na Rìgh air na "Scoti," agus is ann uaithe-san a thainig a nuas teaghlach rioghail na h-Alba anns na linnibh an deigh sin.

(Ri leantuinn.)

Maol a' Chliobain.

Bha bantrach ann roimhe so, agus bha trì nigheanan aice, agus thuirt iad rithe, gu'n rachadh iad a dh' iarraidh an fhortain. Dheasaich i trì bonaich. Thuirt i ris an tè mhòir. "Co aca is fearr leat an leth bheag agus mo bheannachd, no an leth mhòr agus mo mhallachd?" "Is fearr leam" ars ise, "an leth mhòr agus do mhallachd." Thuirt i ris an tè mheadhonaich, "Co aca is fearr leat an leth bheag agus mo bheannachd no an leth mhòr agus mo mhallachd?" "Is fearr leam an leth mhòr, agus do mhallachd," ars ise. Thuirt i ris an tè bhig, "Co

aca is fearr an leat an leth mhòr agus mo mhallachd, no an leth bheag agus mo bheannachd?" "Is fearr leam an leth bheag agus do bheannachd." Chord so ri a mathair agus thug i dhi an leth eile cuideachd. Dh'fhalbh iad, ach cha robh toil aig an dithis a bu shine an té a bu oige a bhi leo, agus cheangail iad i ri carragh cloiche. Ghabh iad air an aghaidh, agus nuair a dh'amhairc iad as an deidh, co a chunnaic iad ach ise agus a' chreag air a muin. Leig iad leatha car treis gus an do ràinig iad cruach mhòine, agus cheangail iad ris a' chruaich mhòine i. Ghabh iad air an aghaidh treis, agus dh'amhairc iad 'nan deidh, agus co a chunnaic iad ach ise a'tighinn, agus a chruach mhòine air a muin. Leig iad leatha car tacan gus an do ràinig iad craobh, agus cheangail iad ris a' chraobh i. Ghabh iad air an aghaidh treis, agus nuair a dh'amhairc iad nan deidh, co a chunnaic iad ach ise a' tighinn, agus a' chraobh air a muin. Chunnaic iad nach robh math bhi rithe. Dh' fhuasgail iad i agus leig iad leo i. Bha

(Air a leantuinn air taobh 214.)

[TD 212]

[Vol. 6. No. 27. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seòladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 31 DESEMBER, 1897.

Tha ceithir fichead bliadhna 'sa coig air a dhol seachad o'n bha 'n cogadh mu dheireadh eadar na Stàitean us Breatunn, agus cha bu chogadh glé mhor e, 's cha deachaidh aireamh mhor dhaoine a mharbhadh ann. Ach ged a bha sin mar sin, tha àireamh mhor de bhantaichean nan saighdearan Geancach a bha 'sa chogadh sin a tarruinn pheinsean gus an latha 'n diugh. Cha'n eil ach ceithir

duine deug dhe na bha anns a chogadh sin beò anns na Stàitean an diugh, ach tha trì mìle, da cheud, 's ceithir fichead us seachd (3,287) bantrach a làthair fhathast, agus gach té dhiubh sin a' faotainn ochd dolair 'sa mhios á ionmhas na duthcha. Tha ceud 'sa h-aon deug dhiubh ann am baile Chicago leis fhéin. Feumaidh gu'n do phos iad anabarrach òg, neo gu bheil iad glé shean. Gu ma fada beò iad, ach 's math leinn gur h-ann aig na Stàitean fhéin a tha ri 'n cumail suas.

Bha duine mhuinntir <eng>Amherst, N. S.,<gai> air a chur an greim Di-ciaduin s'a chaidh ann an <eng>Everett, Mass.,<gai> air son e bhi pòsda ri da mhnaoi. A reir coltais bu duine gle ladarna e, oir cha robh ach mu aona mìle deug a dh' astar eadar àiteachan-còmhnuidh 'nam mnathan. Thainig a cheud bhean air ais gu Amherst o chionn ghoirid, agus mu 'n àm sin ghabh an té eile amhrus nach robh gach ni gu ceart, 's chuir i luchd-ceartais air a thoir. Tha e nise anns a phrìosan a feitheamh cùrtach.

Tha baile <eng>New York<gai> a nise air a mheudachadh le <eng>Brooklyn<gai> agus àireamh de bhailtean beaga a tha timchioll air, a bhi air an cur a stigh ris. Tha mu thrì millean us trì chairteil (3,750,000) de shluagh ann. Thatar a meas gu bheil ceithir millean gu leth (4,-500,000) sluaigh air an tiodhlacadh an taobh a stigh de chriochan a' bhaile, no gu bheil trì cairteil millein a bharrachd de dhaoine marbha anns a 'sa tha ann de dhaoine beò.

Coinnneamh Bhliadhna Clann Eilean a' Cheo.

ORAN LE NIALL MAC LEOID.

Mo dhùrachd blàth do chloinn mo shluaigh,
'Tha cruinn an nochd a'm baile Chluaidh;
Clann nan àrmunn fearail còir,
A dh' àraich eilean gorm a' cheò.

Sìol nam fiuran nach robh fann,
A dhearbh an làmh 'an strì nan lann;
'S cho buan 's bhuaileas tuinn air tràigh,
Bidh iomradh air an euchd 's na dàin.

Ged 'chaidh ar sgaoileadh air gach taobh,
Cha chaochail sin gu brath ar gaol,
Do eilean caomh nam bàgh 's nan sgiath,
Cho maiseach 's air 'n do dh' éirich grian.

Ge corrach àrd a stùcan cas,
Gur cùbhraidh caoin na caochain bhras,
A taomadh sìos bho uchd nam beann,
Ag ùrachadh gach srath is gleann.

Ach 's lìonmhor fàrdoch chàirdeil bhlàth,
'Tha 'n diugh na làraich fhuair air cnàmh;
Aig èin nan speur 's aig féidh nam beann,

Gun cheòl, gun mhànràn mar a bh' ann.

Air feadh nan linn-tean cian a thriall,
Bha cliù ar sinnsir seasmhach riamh;
'S dh' fhàg iad mar dhìleab aig an al
Gun mhasladh 'n eachdraidh sin gu bràth.

Is leanadh mid air luìrg an ceum,
A togail suas ar 'n eachdraidh féin;
A roghnachadh gach slighe cheart,
'S ag iarraidh comhnadh Rìgh nam feart.

Faodaidh an rathad a bhi garbh,
'S faodaidh na cathan a bhi searbh;
Ach duineil, dìleas mar bu dual,
Cha chùram dhuinn nach toir sinn buaidh.

Cho fad 's a shéideas gaoth nam beann,
'S a chumas Blàth-bheinn suas a ceann;
Biodh clann mo dhùchcha mar 'bu chòir
'Nan cliù do eilean gorm a' cheò.

Bha coinneamh mhor aig na Sgitheanaich ann am baile Ghlaschu o
chionn ghoirid. 'S ann aig an àm sin a rinneadh an t-òran so.

So mar tha ar caraid, an Tailleir Dughallach, á Margaree, a cur
thugainn a dhollar:

So dhiubh pris a phaipear Ghàidhlig,
Air leam fhin gu'r fhiach e dhà dhiubh-
Le chuid naigheachdan gun fhàillain,
H-uile seachdain tha e lan diubh;
Le chuid sgeulan as gach àite,
Eadar Albainn us Aràbi;
Le chuid oran grinn gun àireamh,
Millis, fonnmhor, ceòlmhor, gràdhach;
'S ioma buaidh a th' air an àrmunn
Nach dean mise 'luaidh an dràsda;
Tha e taghal anns gach ceàrna
Anns an dean an Gàidheal tàmhachd;
Gur e spiocaire gun nàire,
Ni a leughadh gun a phàigheadh;
Gur a mi-chliu do na Gàidheil,
Ma bhios cion no éis gu bràch air;
Gu'm a fada beò is slán e,
Toil is dùrachd Shandi Thàilleir!

Tha Comunn Gàilig Halifax a faotainn air adhart gu math. Tha
coinneamh mhiosail aige, agus bidh eadar trì fichead us ceithir
fichead pearsa aig gach coinneamh. Tha na coinneamhan air an
fosgladh, 's gach gnothuch us deasbud a bhios aca air a dheanamh ann

an cainnt mhilis, bhlasda nam beann.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers,<gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 213]

[Vol. 6. No. 27. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha pàrlamaid Chanada ri bhi cruinn air an treas latha de Februaraidh. Tha pàrlamaid Bhreatuinn ri bi cruinn air an ochdamh latha dhe 'n mhios cheudna.

Tha 'n amhach-ghoirt ann an Truro. Bha i gu math pailt ann beagan ùine air ais, ach an dràsda ged a tha i ann, cha 'n eil ach gle bheag tinn leatha, agus cha 'n fhada gus am bi i air a cur as gu buileach.

Chaochail Dùghal Mac-Ille-Mhicheil, duin' òg a mhuinntir Hogamah, ann am Maine far an robh e 'g obair anns a' choille, air an t-seachdain s'a chaidh. Cha robh e tinn ach tri latha. Thugadh a chorp dhachaidh gu bhi air a thiodhlacadh.

Thuit beagan sneachda toiseach na seachdain so a rinn rathad sleighe, agus tha e nise na 's fhusa do dhaoine gluasad na bha e roimhe so. Tha an rathad math gu leòr far an robh e còmhnard, ach far an robh cnapan us clachan, cha bhi e gle math gus an sil tuilleadh sneachda.

Cha b' urrainn dut gibht Bliadhn' Uire a b' fhearr a chur gu d' charaid no gu d' bhana-charaid na bliadhna dhe 'n MHAC-TALLA. Bheir e toileachadh us fiosrachadh nach beag dhaibh fad na bliadhna, agus bi'dh e air faotainn fad an deigh do gach gibht eile a gheibh iad a dhol air chall no air diochuimhn'.

Bha teine ann am <eng>Moncton, N. B., <gai> toiseach na seachdain s'a chaidh a loisg fiach da fhichead mìle dolair mu 'n d' fhuaireadh a chur as. Thòisich e ann an stor leabhraichean, agus sgaoil e gu taighean eile a bha timchioll. Bha an t-uisge reota anns na pioban, agus mar sin cha d' fhuaireadh stad a chur air an teine gus an robh e air call mor a dheanamh.

Tha daoine tòiseachadh ri fhaotainn a mach gu bheil siorrachd Inbhirnis gle bheairteach a thaobh mèinnean. Tha gual ri fhaotainn ann am <eng>Port Hood, <gai> am Mabou, am <eng>Broad Cove, <gai> 's aig an t-Similear; aol ann am <eng>Port Hastings, <gai> am Mabou, 's am Beinn a Mharmoir; plaister am Mabou agus an aiteachan eile, agus marmor aig Beinn a Mharmoir. Tha so uile gun iomradh air òr a thatar a' faotainn ann an Cheticamp 's a Hogamah.

Tha da shoitheach mhor smùide ri bhi ruith eadar <eng>Victoria, B. C., <gai> agus Yukon, am port a's fhaisge air a' Chlondaic, cho luath 'sa thig bristeadh air an earrach. Gheibh daoine an uair sin a dhol do thir an òir gun a dhol a mach air crìochan Chanada, agus mar sin cha bhi dragh sam bith air a chur orra le luchd na cuspuinn. Bidh an turus cuideachd saor o gach cunnart agus ànradh troimh 'n robh daoine a dol air an t-samhradh s'a chaidh 'nuair a bha aca ri dhol tarsuinn na beanntan.

Chuir Gàidheil Cholumbia Bhreatunnach fàilte chridheil air an t-Senator Mac Aonghais air dha a bhi air a dheanamh na Riaghladair air a mhor-roinn. Air an t-seachdamh latha de 'n mhios so, chaidh àireamh de dhaoin' inbheach a Chomuinn Ghàidhealaich le dithis

phiobairean air an ceann dh' ionnsuidh an taighe aige, agus leugh iad òraid-fhailteachaidh Ghàilig dha. An deigh sin bha òraidean eile air an liubhairt le dithis no trì dhiubhsan a bha làthair, agus chluich na piobairean dha no trì chuairtean air a' phiob-mhoir. Rinn an Riaghladair òraid ghoirid, thaitneach, a toirt taing do mhuinntir a Chomuinn Ghàidhealaich air son an deagh dhùrachd dha. Mar a tha fhios aig ar leughadairean, 's ann an Ceap Breatunn a fhuair an Riaghladair Mac Aonghais a bhreth us àrach, agus tha sinn anabarrach toilichte gu bheil e le dicheall 's le tapadh an deigh dreuchd cho onarach a thoirt a mach dha fein.

Aig ceap Nòr, chaochail o chionn ghoirid, bean Uilleam Gwinn, agus i 'n deigh aois ceud us ceithir bliadhna 's da mhios a ruigheachd. Bha i air aon de 'n cheud fheadhain a thainig gu Ceap Nor.

Tha W. C. Domhnullach, ann am Montreal, an deigh da cheud gu leth miledolair a thoirt o chionn ghoirid do oil-thigh McGill anns a bhaile sin. Tha e an deigh faisg air millean gu leth dolair a thoirt do 'n oil-thigh sin air fad.

Chaidh fiach seachd millean us da cheud mile dolair (\$7,200,000) a losgadh ann an Canada 's anns na Stàitean air a' mhos s'a chaidh. Cha deach uiread calla dheanamh le teinntean am bliadhna 'sa rinneadh an uiridh, no idir uiread 'sa rinneadh air a bhòn-uiridh.

Tha barrachd dhaoine a' cur a stigh air son cead deoch-làidir a chreic ann a' Halifacs am bliadhna na bh' ann riamh roimhe. 'S e duine gle ainneamh a chuireadh latha no dha seachad anns a' bhaile sin nach biodh dhe 'n bharaill gu bheil am pailteas de "mhac-na-braiche" 'ga chreic 's 'ga òl ann mar tha.

Tha 'n laimhrig ùr ghuail ri bhi air a cur suas aig an <eng>International<gai> re a gheamhraidh. Bidh i na 's àirde 's na 's fhaide na 'n t-seann laimhrig, agus na 's freagarraiche air son soithichean a tha àrd os ceann uisge a luchdachadh. Eadar an da laimhrig, gabhaidh moran guail cur a mach air an t-samhradh s'a tighinn.

Tha an soitheach-smùide "Bruce" a deanamh a turuis gu riaghailteach eadar Newfoundland agus Sidni Tuath, da uair 'san t-seachdain. Tha àireamh mhor a gabhail an turuis air ais 's air adhart oirre. Air an t-seachdain s'a tighinn tha dùil ri còig ceud cù a thighinn oirre air an turus do 'n Chlondaic, far am bheil iad gu bhi air an cur a dh' obair a tharruinn shleigheachan.

Tha duine fuireach air Ceap Mabon, Iain Mac Neill, a bha ceud bliadhna dh' aois air latha Nollaig. Tha e fhathast gu làidir, fearail, agus a reir gach coltais cho slàn 'sa bha e latha riamh. Tha a fhradharc 'sa chlaistneachd gu math, agus cha do chaill e fiacail riamh. Cha do bhean e do 'n tombaca ri bheò. Tha e làn de sgeulachdan éibhinn, agus tha e gle dheidheil air a bhi seinn òrain Ghailig. Tha e de Chloinn-Neill Bharraidh agus tha moran de bhuadhannan a shinnsirean air leantuinn ris. Gu ma fada beò e.

Iadsan a Phaigh.

Seumas C. Domhnullach, Iona.

\$3.00

I. W. Domhnullach, <eng>Malagawacth.<gai>

<eng>A. Bain, Port. Hawkesbury.<gai>

Caorstaidh Mhoireastan Sidni,

Ceit Nic Dhomhnuill, <eng>Glengarry P O.<gai>

\$2.18

A. B Domhnullach, <eng>Meat Cove.<gai>

Iain D. Dùghlach, <eng>Grand Mira Tuath.<gai>

Gilleasbuig Peutan, cùl Siudaig Bheag.

\$2.00

Iain A. Mac Gilleain, <eng>L' Ardoise<gai> Iseal.

Ruairidh Moireastan, <eng>Goose Cove, St. Anns.<gai>

\$2.00

Seòras Friseal, Taobh Tuath an Eilein Mhoir.

4.00

Alasdair Mac Fhearghais, <eng>Carribou Marsh.<gai>

M. R. Mac Neill, <eng>Benacadie Pond.<gai>

Ceit Mhoireastan, Gut a Tuath.

Alasdair D. Dùghlach, <eng>S. W. Margaree.<gai>

Iain R. Moireastan, <eng>Framboise.<gai>

Bean A Nic Eachuinn, <eng>Port Hood.<gai>

Tormaid Domhnullach, <eng>Dutch Brook.<gai>

Aonghas Mac Ritchie, Baile nan Gall.

An t-Urr L. I. Mac-a-Phearsain, <eng>D'Escousse.<gai>

Ceit Nic Fhearghais, <eng>Boston, Mass.<gai>

Domhnull Currie, <eng>Flesherton Station, Ont.<gai>

Domhnull I. Friseal, <eng>Vankleek Hill, Ont.<gai>

Tigh nan Cumantach, <eng>Ottawa, Ont.<gai>

Domhnull Domhnullach, <eng>Ashdale, N. S.<gai>

Nial Seathach, <eng>Rosebury, Man.<gai>

Andra Mac Gille-Chriosd, <eng>Burnbank,<gai> Alba.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgrìobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

[TD 214]

[Vol. 6. No. 27. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 211.)

iad a' falbh gus an d' thainig an oidhche orra. Chunnaic iad soluis fada uatha, agus ma bu fhada uatha, cha bu fhada bha iadsan 'ga ruigheachd. Chaidh iad a staigh. Ciod e bha so ach taigh fhamhair. Dh'iarr iad fuireach an oidhche. Fhuair iad sin, agus chuireadh a laigh iad le tri nigheanan an fhamhair. Bha caran de chneapan òmhair mu mhuinealan nigheanan an fhamhair, agus sreangan gaosaid mu am muinealan san. Chaidil iad air fad, ach cha do chaidil Maol a'chliobain. Feadh na h-oidhche thàinig pathadh air an fhamhair. Ghlaodh e ri a ghille maol, carrach uisge a thoirt da ionnsuidh. Thuirt an gille maol, carrach nach robh deur a staigh. "Marbh," ars esan, "tè de na nigheanan coimheach, agus thoir am' ionnsuidh-sa a fuil." "Cia mar a dh' aithnicheas mi eatorra?" ars an gille maol carrach. "Tha caran de chneapan mu mhuinealan mo nigheanan sa, agus caran gaosaid mu mhuinealan chaich," Chuala Maol a'chliobair am fhamhar, agus cho clis agus a b'urrainn di; chuir i na sreangan

gaosaid a bha mu a muineal fein agus mu mhuinealan a peathraichean, mu mhuinealan nigheanan an fhamhair, agus na cneapan a bha mu mhuinealan nigheanan an fhamhair mu a muineal fein agus mu mhuinealan a peathraichean agus luigh i sios gu samhach. Thàinig an gille maol carrach, agus mharbh e té de nigheanan an fhamhair, agus thug e an fhuil da ionnsuidh. Dh'iarra e tuilleadh a thoirt d'a ionnsuidh. Mharbh e an ath thé. Dh'iarra e tuilleadh agus mharbh e an treas té. Dhùisg Maol a' chliobain a peathraichean, agus thug i air a muin iad, agus ghabh i air falbh. Mhothaich am famhar dith agus lean e i. Na spreadan tein a bha ise a' cur as na clachan le a sàiltean, bha iad a' bualadh an fhamhair anns an smigead; agus na spreadan teine a bha am famhar a' toirt as na clachan le barraibh a chos, bha iad a' bualadh Mhaol a' chliobain air cùl a' chinn. Is e so a bu dual daibh gus an do ràinig iad abhainn. Leum Maol a'chliobain an abhainn, agus cha b'urrainn do an fhamhar an abhainn a leum. "Tha thu thall a Mhaol a' chliobain." "Tha, ma is oil leat." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruadha." "Mharbh, ma is oil leat." "Cuin a thig thu a rithist?" "Thig, nuair a bheir mo gnothach ann mi." Ghabh iad air an aghaidh gus an do ràinig iad taigh tuathanaich. Bha aig an tuathanach tri mic. Dh'innis iad mar a thachair daibh. Ars an tuathanach ri Maol a chliobain, "Bheir mi mo mhac a's sine do d'phiuthair a's sine, agus faigh domh cìr mhìn òir, agus cìr gharbh airgid, a tha aig an fhamhar." Cha chosd e tuilleadh dut," ars Maol a' chliobain. Dh'fhalbh i agus ràinig i taigh an fhamhair. Fhuair i a staigh gun fhios. Thug i leaeha na cìrean agus dh'fhalbh i mach. Mhothaich am famhar dith; agus as a deidh a bha e gus an do ràinig e an abhainn. Leum ise an abhainn, agus cha b'urrainn do an fhamhar an abhainn a leum. "Tha thu thall, a Mhaol, a' chliobain." "Tha, ma is oil leat." Mharbh thu mo thri nigheanan maola ruadha. "Mharbh ma is oil leat." Ghoid thu mo chìr mhìn òir, agus mo chìr gharbh airgid." "Ghoid, ma is oil leat." Cuin a thig thu a rithisd." "Thig nuair a bheir mo gnothach ann mi." Thug i na cìrean thun an tuathanaich, agus phòs a piuthair mhor-sa mac mòr an tuathanaich. "Bheir mi mo mhac meadhonach do d' phiuthair mheadhonaich agus faigh domh claidheamh solvis an fhamhair." Cha chosd e tuilleadh dut" ars Maol a' chliobain. Ghabh i air falbh, agus ráinig i taigh am fhamhair. Chaidh i suas ann am barr craoibhe a bha os ceann tobair an fhamhair. Anns an oidhche thàinig an gille maol, carrach agus an claidheamh soluis leis a dh'iarraidh uisge. Nuair a chrom e a thogail an uisge, thàinig Maol a' chliobain a nuas agus phut i sios anns an tobar e agus bhàth i e, agus thug i leatha an claidheamh soluis. Lean am famhar i gus an do ràinig i an abhainn. Leam i an abhainn, agus cha b'urrainn am famhar a leantuinn. "Tha thu thall, a Maol a' chliobain." "Tha, ma is oil leat." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruadha." Mharbh, ma is oil leat." "Ghoid thu mo chìr mhìn òir, agus mo chìr gharbh airgid." "Ghoid, ma is oil leat." "Mharbh thu mo ghille maol carrach." "Mharbh, ma is oil leat." "Ghoid thu mo chclaidheamh soluis." Ghoid, ma is oil leat." "Cuin a thig thu a rithist?" "Thig, nuair a bheir mo gnothach ann mi." Ràinig i taigh an tuathanaich, leis a' chlaidheamh sholuis, agus phòs a piuthair mheadhonaich agus mac meadhonach an tuathanaich. "Bheir mi dut fein mo mhac a's oige," ars an tuathanach "agus thoir am' ionnsuidh boc a tha aig an fhamhar." "Cha chosd e tuilleadh dut" ars Maol a' chliobain. Dh'fhalbh i agus

ràinig i taigh an fhamhair, ach nuair a bha greim aice air a bhoc rug am famhar oirre. "Ciod e" ars am famhar "a dheanadh tusa ormsa, nan deanainn uibhir de choire ort agus a rinn thusa ormsa." "Bheirinn ort gu'n sgàineadh tu thu fein le brochan bainne; chuirinn an sin ann am poc thu; chrochainn thu ri druim an taighe; chuirinn teine fothad; agus ghabhainn dut le cabar gus an tuiteadh thu 'nad chual chrionaich air an ùrlar." Rinn am famhar brochan bainne, agus thugar dith ri òl e. Chuir ise am brochan bainne mu a beul agus mu a h-aodainn, agus luigh i seachad mar gu'm bitheadh i marbh. Chuir am famhar ann am poc i, agus chroch e i ri druim an taighe, agus dh'fhalbh e fein, agus a dhaoine do an choille, a dh' iarraidh fiodh. Bha mathair an fhamhair a staigh. Theireadh Maol a' chliobain nuair a dh'fhalbh am famhar "Is mise a tha anns an t-solus, is mise a tha anns a' chaithir òir." "An leig thu mise ann?" ars an chaileach. "Cha leig gu dearbh." Mu dheireadh, leig i nuas am poc; chuir i staigh a' chaileach agus cat, agus laogh, agus soitheach uachdair; thug i leatha am boc agus dh'fhalbh i. Nuair a thainig am famhar, thoisich e-fein agus a dhaoine air a' phoca leis na cabair. Bha a' chaileach a' glaodhaich. "Is mi fein a tha ann." "Tha fios agam gur tu fein a tha ann," ars am famhar agus e ag éiridh air a' phoca. Thainig am poc a nuas' na chual chrionaich agus ciod e a bha ann ach a mhàthair. Nuair a chunnaic am famhar mar a bha, thug e as deidh Maol a' chliobain. Lean e i gus an do ràinig i an abhainn. Leum Maol a' chliobain an abhainn agus cha b' urrainn am famhar a leum. "Tha thu thall a Mhaol a'chliobain." "Tha, ma is oil leat." "Mharbh thu mo thri nigheanan maola, ruadha." "Mharbh, ma is oil leat." "Ghoid thu mo chìr mhìn òir agus mo chìr gharbh airgid." "Ghoid ma is oil leat." Mharbh thu mo ghille maol, carrach." "Mharbh, ma is oil leat." "Ghoid thu mo chlaidheamh soluis," "Ghoid ma is oil leat." "Mharbh thu mo mhathair." "Mharbh, ma is oil leat." "Ghoid thu mo bhoc." "Ghoid ma is oil leat." "Cuin a thig thu a rithisd?" "Thig nuair a bheir mo ghnothach ann mi." "Nam bitheadh tusa bhos agus mise thall," ars am famhar, "ciod a dheanadh tu airson mo leantuinn?" "Stopainn mi fein agus dh'òlainn gus an traoghainn, an abhainn." Stop am famhar e fein, agus dh'òl e gus an do sgàin e. Phòs Maol a 'chliobain mac òg an tuathanaich.

Gaol Duthcha.

AIR EADARTHEANGACHADH O BHEURLA <eng>SIR WALTER SCOTT,<gai> LE A. SINCLAIR.

'Bheil neach, air bith, 's an deo na chre,
 Cho fuar 's nach tuirt e riamh ris fein,
 "Mo dhuthaich chaomh d'an tug mi gaol!"
 Aon nach do las a chridh' na chom,
 Dhachaidh 'nuair ghluais le ceum neo-throm,
 Bho anradh cianail feadh an t-saogh'l;
 Ma tha, rach 's beachdaich air gu dluth,
 Ri laoidh no ceol cha tog e shuil:
 Ged bhiodh e ard an ainm 's an inbh',
 'S a mhaoin cho mor 's a dh' iarradh miann;
 A dh' aindeoin 'airgid, 'ainm a's oir,

'Se 'n t-umaidh truagh bhios ann r'a bheo.
Cha'n fhaigh e meas, no miagh, no cliu,
'S 'n uair thig am bàs theid sios do'n uir,
Gun chuimhn' no iomradh air am feasd,
'S cha chaoidhear air a shon gun cheisd.
O! Albuinn chaomh, nan stuc, 's nan carn!
A mhuime dh' araicheas na baird!
A thir a' bharraich a's an fhraoich;
A thir nam beann, nan tuil', 's nan craobh,
Tir mo shinnsear'! tir nan sar,
Co dh'fhuasglas an ceangal graidh,
Ri d' thraigh a dh' aonas mi gu brath!

Sean-fhacail.

Is beò duine 'n deigh a sharach', ach cha bheò e an deigh a narach'.

Is ann an ceann bliadhna dh' innseas iasgair a thuiteamas.

Is ionnan aithreachas criche, is a bhi cur sil mu Fhéill-Màrtuinn.

Is fearr teachd an deireadh cuirme no 'n toiseach tuasaid.

Is sona' gach cuiu an commuin, is mairg a chromadh na aonar.

Is math an tom air am bi sealbh.

[TD 215]

[Vol. 6. No. 27. p. 7]

Deireadh na Bliadhna.

Rainig MAC-TALLA 's a chairdean lionmhor crìoch bliadhna eile. Thachair iomadh ni iongantach. Chaochail iomadh laoch geanmuidh, measarra, gasda; bha iomadh teaghlach tuirseach, bronach, bha aighear 'us gean aig àireamh mhòr de 'n chinne-daoine. Mheal iomadh neach slainte mhaith agus sonas pailt, re na bliadhna tha 'nis a tabhairt suas an deo 's a' dol le ceum deifireach do thir na di-chuimhne agus do chuideachd nan linn a bha 's a bhuineas a nis do na laithean 'us do na ginealaich a tha gu brath seachad. Rinn MAC-TALLA, an Gaidheal laghach, dileas agus an cuairtear ionnsuichte, dichìoll 'us dealas mor re na bliadhna 'chaidh seachad, airson eolas 'us greadhnachas a thabhairt do na Gaidheil an ear 's an iar, ann an Gaidhlig ghlan, bhriagmhor, mhilis. Cosmhuil ris na Gaidheil a's modha gliocais 'us uaisle anns gach linn 'us tir, cha 'n eil MAC-TALLA, an teachdaire pongail, gaisgeil ach gle aineamh 'ga mholadh fein. Faodaidh e moladh beag a dheanamh air fein aig an àm so, do bhrìgh nach eil paiper Gaidhlig ann an Canada ach e fein. Is taitneach agus is freagarrach an t-ainm a ghabh e da fein no thugadh dha an uair a chuir e an seol meadhoin an aird shios ri taobh a' chuain fharsuing, bheucaich agus am measg aile fallain, fial,

fearail nan tonn. Agus ciod e 'tha 'n t-ainm MAC-TALLA 'ciallachadh? Ann an Canada tha iomadh caol, 'us amhainn, 'us gleann, 'us srath uaigneach, anns an cluinnear-'nuair a thogas duine 'ghuth agus a labhras e moran no beagan bhriathran,-na briathran no na focail cheudna air an aithris bho thaobh gu taobh anns an t-samchair a tha mu 'n cuairt, gus an saoil neach gu bheil teanga thapaidh, cheolmhor, phongail aig gach mullach, 'us cos, 'us creag, 'us uamh, 's aig gach lochan, 'us camus, 'us sruthan ciuin no tartarach. Gu cinnteach cha 'n eil Gaidheal ann an Canada a's fhiach Gaidheal a radh ris, "nach eil 'na charaid dileas do MHAC-TALLA, 'us nach eil a guidhe slainte, 's soirbheachadh, 'us fallaineachd mhor 'us bheartach do MHAC-TALLA.

O'n chuir MAC-TALLA 'n seol-meadhoin air tus suas ri barr a' chroinn, rinn e seoladaireachd mhaith 'us ghleusda. Cha 'n eil loch no amhainn anns an dùthaich anns nach robh miann laidir aige fasgadh fhaotainn agus acair a thilginn gus am faigheadh e cothrom mar so air failt 'us furan a chur air gach Gaidheal agus air teachdaireachd an t-saoghail a thabhairt doibh ann an cainnt thaitneach, urramach Oisein nan caomhdhan 's nam beusan ciuin; bard fonnmhor, ealanta Sheallama nam buadh 'us nan euchdan iomraiteach. Agus ma ni MAC-TALLA iomradh beag an diugh air fein 's air gach dealas a tha e 'nochdadh ri taobh na fairge, airson ainm 'us onoir na Gaidhlig a chumail suas agus a mheudachadh: ma mholas MAC-TALLA e fein airson gach obair a tha e 'deanamh as leth nan Gaidheal agus na Gaidhlig, cha 'n eil Gaidheal anns an dùthaich nach' freagair le guth co glan, fosgailte, ard, fuaimneach 's a dh' eirich riamh bho mhullach beinne, no bho sgairneach nan clach 's nan cos, gu bheil MAC-TALLA da-rìreadh, airidh air cliu 's moladh nach eil beag no faoin; gu bheil e gun sgios 'us le dichioll gasda a sgaoileadh eolais air feadh na tir; 'us gur e teachdaire foghlumte, measail a tha ann; agus gu bheil e 'stiuireadh a luinge gu grinn, duineil, a' dol a stigh le curam sonruichte anns gach port, agus a' gabhail cothrom air gach gaath fhabharach a sheideas, agus mar so, gu bheil e comasach air seoladaireachd thearuinte 'us chliuiteach a dheanamh, agus air tonnan na fairge 's nan lochan a ghearradh gu sgileil, boidheach an uair a tha osag fhabharach a' lionadh breidean geala na luinge, 's an uair a tha feith nan eun ann agus a tha feum air neart nan ramh 'us lugh nan lamh. Cha chuirinn-sa failt air Gaidheal air bith ann an Canada, mur eil e cheana 'tabhairt aoidheachd 'na thigh 's na chridhe do MHAC-TALLA, nach abair gu durachdach gu 'n toisich e leis a Bhliadhn' Uir air meas 'us cairdeas a charamh air MAC-TALLA, air comhnadh a dheanamh leis ann am bàta a's modha fhaotainn agus a chumail ann an uidheam sheasmhor, eireachdail agus mar so air aobhar a thabhairt da 'bhi sona, soghmhor an àm na Nollaig, am feadh a tha gach duine iarrtuiseach air a bhi toilichte, suilbhir, tlusail, tlath. Togaidh MAC-TALLA, 'nuair a gheibh e fein agus a long seolaidh an t-eolas agus an aoidheachd air am bheil iad fìor-airidh, fonn a's togarraiche agus a's ceolmhoire na rinn e riamh roimhe, 'ruigheachd nam beann, 's nan glac, 'us nan cos, 'us nan uamh, a tha eadar Sidni 's an Cuan Samhach a tha air taobh thall na dùthcha. Cosmhuil ris gach Gaidheal tuigseach, tha MAC-TALLA taingeil gu bheil e aig crìoch bliadhna eile ann an slainte 's ann am fallaineachd. Tha dearbh-fhios aige daonnan gur e slainte mhaith,

am beannachadh a's modha 'tha againn anns an t-saoghail so. Tha e cinnteach gu bheil a chairdean uile taingeil gu bheil iad a lathair aig deireadh na bliadhna, ged gun amharus a dh' fhairich moran diu airc, 'us trioblaid, 'us call, 'us cunnart anns an da mhios dheug a tha aig ceann-uidhe 'n turuis. Is ann mar so bha 'n duine riamh, agus is ann mar so 'bhitheas eachdraidh an t-saoghail anns na laithean a tha ri teachd. Tha MAC-TALLA agus a chairdean anns gach aite 'fagail beannachd fhada, chaoimhneil leis a bhliadhna 1897. Bha iad 'n an companaich re uine mhor, ach cha bhi iad 'n an companaich gu brath tuille.

CONA.

Is eigin ghabhail le each mall o nach fhaighir n's fhearr.

Is fearr aon tigh air a nighe no dha-dheug air a sguabadh.

Is fearr deathach an fhraoich no gaoth an reota.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 216]

[Vol. 6. No. 27. p. 8]

Tuireadh Seann Mhaighdinn.

LE BARD NA LEADAIGE.

Tionndaidh nis nall a nionag,
'S innsidh mi duit fein mo bharail;
Tha mi sean, is tha mi aosda,
'S cha 'n eil faoineas nis air m' aire.

'S 'n am bithinn-sa air comhairl' fhaotainn,
Mar a dh' fhaodas mi thoirt seachad,
Cha bhithinn-sa an diugh co faontrach,
'S bhiodh fear laghach, aoidheil agam.

Ach 'se rinn an tubaist dhomhsa,
Mi bhi 'm oiseach tra 'san latha;
'M fear nach gabhainn an diugh r'a phosadh,
'Maireach cha bhiodh e 'san rathad.

A cheud fhear thainig riamh 'gam iarraidh,
Bha e fiachail, ciallach, modhail;
Ach bha rud-eigin a dhi air,
Bha e iosal anns an sporan.

Bha fear eile tric 'nam shùilean,
Thug dhomh cul a chuir ri dithis;
Dh' fhag e mise air bheugan eiasan,
'S thionndaidh e ri biasdag eile.

Sheas mi sin fad chupall bhliadhna,
'S thainig seann fhear liath 'san rathad,
Lan do bheartas is do stòras,
B' annsa leam feadhainn òga fhathast.

Bha iad sud an deigh a cheile,
Dh' fhas mi eisearach mu dheireadh;

Cha robh aon a' tighinn 'gam iarraidh,
'S thigeadh roineag liath a dh' aindeoin.

Thoisich preasadh ann am ghruaidhean,
'S och! mo thruaighe, fhathast falamh;
Bheirinn sin mo mhaoin 's mo storas,
Gu 'm bitheadh posadh ann domh fhathast.

'S e mo chomhairle dhuit a nionag,
Gun bhi stri ri ni nach fhaigh thu;
Gabh an tairgse 'nuair is coir dhuit,
'S na bi caoidh 'sa bron, 's tu falamh.

Cumha do dh' Fhorsair Choire-'n-t-Sith.

LE A MHNAOIDH.

O tha mulad 's tha sgios orm
'S mi nios ris an stùic,
'S mi coimhead na frithe
'S tric a dhirich mo rùn,
Far na dhùin tha 'n damh piceach
'S t-uilinn chlith air do ghlùin;
Sid an obair bu dual dhut
'S bha thu suairc air a cul.

Tha mi direadh a bhruthaich
'S gun mo shiubhal a'm réir;
'S tric snidh air mo shùilean
Gus na dhrùidh orm féin:
Mi 'coimhead an fhirich
Far an tilleadh tu spréidh,
'S mi ag amharc a chabair
A rinn thu leagadh 's an fheur.

Bu tric a dh' fhag thu mi 'm chadal
Gun airsneal, gun ghruaim,
'S a thug thu n damh biorach
Bho 'n fhireach ud shuas;
Agus coileach na géige
Seal mu 'n eireadh an sluagh
Air dheadh chuairt, na maidne
'S tric a leag thu damh ruadh.

'Nuair bhios mnathan a bhaile
'Deanamh aighear dhaibh fein,
'S ann bhios mise nam chrùban
Agus tùchan 'nam bheul,
Bho nach tig e 'nam dhùisge
Fear dha 'm bidh an ceol réidh;
O na faighinn mo roghainn
'S tu a thaghainn dhomh féin.

Tha mi 'm bothan beag grùgach
'S gun mo shugradh ach mall,
'S mi chuideachd air leanabh,
'S fear mo ghearain air chall.
Ged a dh' fhalbhadh am bainne,
'S a bhidh an t-aran oirnn gann,
'Nuair a thigeadh tu dhachaidh
Bu leam tacar nam beann.

Dh' fhuirich mise gun tacar
Bho 'n latha sin fein;
Dh' fhuirich m' iasg anns an aigeal
Gun a ghlacadh le leus;
Bho 'n la chaidh thu an tasgaidh
Ann an clachan nan ceud,
Cheud Di-haoine ro inid
A bhuin an iomairt riut geur.

'S beag an t-ioghnadh mi liathadh
'S mi dhol bliadhn ann an aois,
Bho 'n tacaid so 'n uiridh
Dh' fhas mo chular gun aoidh;
Bho 'n la dh' fhalbh nam Gilleasbuig
An t-òg gasda dh' fhàs caoin,
Bu tric le ighrean do sheanar
Bhi air an gearadh le aog.

'S beag an t-ioghnadh mi ghlasadh
'S a' lasadh mo ghruaidh
Chuir mi giùlan da thrathabh
A rinn mo chaitheamh gu cruaidh.
Agus giùlan da 'n chaoran
Seal mu 'n chaochail thu snuadh,
A lub ur a chuil bhuidhe
B'e do chumha bhi suairc'.

O cha 'n eil i mar tha mi
Bean 'ga cràdh anns an tìr,
A sior iargain a càirdean,
'S cha b' iad na tacharain chrion;
Ach na laoich mhora, dhàna,
Da 'n robh a chàil ri am strith,
No fiurain a b' àilde
O mo chràdh air dol dhìom.

Ged a tha mi mar tha mi
Mo bheannachd ad' dhéigh;
Mo bheannachd gu bràth leat
Gu Pàrais Mhic Dé.
Bho nach d' thug thu riamh tàire dhomh
Facal gràineil a'd bheul,
A rìgh! nach mi bha mar tha thu
'S tu ri àiteach nam dhéigh.

ALASDAIR AN RIDSE.

Tha an t-Urr Alasdair Mac Aoidh, D.D., Toronto, a' deanamh searmon Gàilig ann an eaglais <eng>Knox<gai> anns a' bhaile sin, uair 'sa mhios, agus tha àireamh mhor de na Gàidheil a' cruinneachadh g'a éisdeachd. Tha moran diubh a tighinn astar fada air son an soisgeul a chluinntinn air a shearmonachadh 'nan cainnt fhéin.

<eng>Grace Darling<gai>

Leth-cheud bliadhna 'sa h-ochd air ais, air an 7mh de <eng>September<gai>, shàbhail <eng>Grace Darling<gai> agus a h-athair, le 'n tréine, naodhnar dhaoine o bhi air am bàthadh. Tha 'n obair sin, sàbhaladh-beatha a dol air adhart fhathast, agus tha K. D. C. a' deanamh a chuid fhein. Is e bhi slàn an dòigh a's fhearr air son a bhi fìor shona.

Tha stamagan neo-fhallain a' deanamh dhachaidhean agus dhaoine mi-shona, ge b'e àite 'n faighear iad. Gheibhear cuideachadh, faochadh, agus leigheas do stamagan neo-fhallain ann an K. D. C. Feuch e. Tha e air a shàr-mholadh.

Tha <eng>K D C Pills<gai> anabarrach math air son tinneasan cuim.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 217]

[Vol. 6. No. 28. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 7 IANUARaidH, 1898. No. 28.

Maighdean Ghouri.

BHO 'N BHEURLA.

A mhaighdean òg an teid thu leam,
An teid thu leam, an teid thu leam?
A mhaighdean òg, an teid thu leam
A nunn gu Carsa Ghouri?

Air feasgar samhraidh 'n àm a' cheitein,
Cian ro bheag roimh laidhe greine,
Thainig oigh 'n a h-ùr-ghùn ceutach,
Thar an t-sleibh do Ghouri.
A mhaighdean òg, &c.

Cha robh am chridh' dhi aon ni cearr,
'S mu 'braighe geal gu 'n chuir mo lamh,
A's thuirt mi rì am briathraibh graidh-
"An teid thu sraid do Ghouri?"

Is maiseach ceud-fhàs ros 's an drùchd,
Fo dhearrsa grein' air madainn chiuin,
Ach b' àill' Catriona na gach flur
A dh' fhas o thùs an Gouri.

Ni mi sgiamhach thu le sioda,
'S bheir mi thu do chuir mo shinnsear,
'S ni mi ban-tighearn' àillidh dhiotsa,
Air na chì thu 'n Gouri.

Le pogaibh milis a beoil cubhraidh,
Sgaoil rugha deirge 'n a gnùis ghil;
Chagair i gu malda ciuin rium-
"Theid mi, ruin, gu Gouri."

Thug na seann daoine an deoin doibh,
'S thainig sagairt gu am posadh;
Feuch a nis a' mhaighdean òg,
Le sioda 's srol an Gouri!

A' Bhliadhna Ur.

Is i 'Bhliadhna Ur a tha 'nis ann, agus tha gach duine 'g radh r'a chàirdean us r'a choimhearsnaich, "Bliadhna Mhaith Ur duit," agus mar so 'labhairt briathran gradhach; agus a' guidhe, gu bi agh 'us sonas, 'us slainte mhaith 'us soirbheachadh pailt a' leantuinn re na miosan a bhuineas do 'n bhliadhna ùr, gach duine bochd 'us beartach, gach sean-athair us sean-mhathair, gach balach 'us caileag, gach fleasgach àluinn 'us gach maighdean eireachdail. Tha MAC-TALLA ann an dùrachd a chridhe 'us leis gach greadhnachas, 'us aighear, 'us deadh-rùn a' guidhe bliadhna mhaith ùr do gach Gaidheal air am bheil eolas aige cheana ann an Canada, 'us do gach Gaidheal air nach eil eolas aige fathast, ged tha dochas laidir aige gu faigh e eolas taitneach orra mun ruith laithean na bliadhna 'tha 'nis aig tus a cuairt, crìoch a turuis. Ann an tir nam beann, 'us nan gleann, 'us an fhraoich, tha mac-talla le dichìoll anabarrach a' freagairt mile guth a tha 'g radh, "Bliadhna mhaith ùr duit!" "Mar sin duit fein agus moran diu." Cha 'n e mac-talla an laoch modhail, cairdeil, dileas a bhitheas air an deireadh ann air guth ciuin, gradhach a thogail, agus ann am briathran laghach, beusach, dochasach a labhairt. Le langanaich nam fiadh, le durdail nan coileach dubha 'us ruadha, le sgreuchail nan cearc-thomain, le geumanaich nan tarbh 'us nam bo, meilich nan caorach, le ceileir taitneach nan eun, le fuaim nan eas 'us nan sruthan gaireach: tha mac-talla daonnan aig an àm so de gach bliadhna gun tàmh gun sgios a' tabhairt freagairt do gach miallan 'us do gach glaodh caoimheil a tha air feadh nan aonach agus am measg nan gleann 's nan glaic. Bithidh meas mor air mac-talla ann an stri na camanachd an uair a tha gilleann oga, sgairteil le tighearna na h-oighreachd air an ceann a' cur na stri le dealas mor 'us eigheach ard, an aghaidh gilleann tapaidh a bhuineas do thighearna oighreachd eile. Ged 'thainig caochladh muladach air Gaidhealtachd Albainn, o'n nach 'eil na Gaidheil co lionmhor 's a b' àbhaist doibh a bhi,-cha tainig crìoch fathast air a' chamanachd. Cluinnear aig a' bhliadhna uir fathast na seana ghlaodh grinn: "Buaileam ort;" "Leigeam leat;" "Seumas mòr nam fiadh agam." Tha stri na camanachd, ged tha i dian, teith, deothasach, gan fhearg no gannlas air bith innte; agus air an aobhar so, tha gach taobh a' deanamh gairdeachais le iolach ard, an uair 'tha 'n stri seachad, agus tha mac-talla am measg nan creag 'us nan comhnard, ag aithris gu pongail a rithist gach aigheir 'us guth sunndach a tha luchd na camanachd a' togail. Anns na laithean socrach, laghach a chaidh seachad, bha a' cheud da latha dheug air an gleidheadh 'na nollaig, agus bu toilichte 's bu shona 'bha na Gaidheil a' cur am beatha seachad. Bha iad aineolach air an othail, 's air an upraid, 's air an deifir ghluasach a tha 'n ear 's an iar, 'us tuath, 'us deas air feadh an t-saoghail an diugh. O'n nach eil an sneachda co trom 'us domhainn ri taobh na mara ann an Nobha Scotia, 's a tha e ann an Cuebec 's an Ontario, ma dh' fhaoidte gu bheil cothrom gasda aig na Gaidheil a tha ri taobh a' chuain air stri na camanachd a chur air blaran reidh, gun reothadh gun sneachd an uair a bhitheas mac-talla a' gairm le ceol milis, fonnmhor, "Bliadhna mhaith ùr do gach creutair."

Tha gach bliadhna ùr a thig mu 'n cuairt iarraidh oirnn beachd shonruichte 'ghabhail air a' bhliadhna tha seachad. Mar so chi sinn le sealladh firinneach cia mar a shoirbhich leinn. Cia mar a rinn sinn feum do gach cothrom a bha againn? Cia mar a rinn sinn mearachdan mora? Agus cia mar a dh' fhaodamaid gnìomharan a b' fhearr 's a bu chluiteiche a' dheanamh. Tha sinn uile 'tarruing eolais 'us gliocais bho na laithean a dh' aom, agus a' cur romhainn nach dean sinn na mearachdan ceudna gu brath tuille; ach gu dean sinn le cridhe laidir, togarrach, seoladh gu fada 's fhearr agus gu dean sinn gnìomharan a's modha 's a's tarbhaiche anns a' bhliadhna 'tha 'n a leanabachd. Tha MAC-TALLA 'faireachduinn nach robh e aon chuid lunnach na caon-shuarach an uiridh, ann an Gaidhlig chruaidh, ghlan a sgriobhadh; ann an eolas feumail agus maith a thabhairt seachad; agus ann an culaidh riomhach a chur air gach cainnt 'us àbhaist Gaidhealach 'us urramach, a chum gu bitheadh e 'n a theachdaire uasal, comasach, carthannach, do gach Gaidheal eadar Sidni agus Bhictoria. Bha na Gaidheil daonnan proiseil 'us uaibhreach an uair a bhitheadh iad air an sgeadachadh le breacan riomhach an fheilidh, agus a bhitheadh gach sporan 'us bucall, 'us osan, boidheach, eireachdail, fiachail. Tha MAC-TALLA lan de mheas 'us de mhuirn airson nan daoine gleusda bho 'n tainig e. Tha e fein tuille 's modhail, agus cha tog e 'ghuth as a leth fein. Gabhaidh mise orm fein cuis MHIC-TALLA a' thagradh. Rinn e an uiridh oidhirp- agus is maith a fhuaradh e-air e fein a ghleidheadh ann an uidheam ghlan, thaitneach, mheasail, agus air iomadh teagasg 'us naigheachd beusach, gasda 'thabhairt seachad ann an Gaidhlig ghlan, bhlasda, bhoidheach. Is e tha 'n a bheachd a nis eideadh a's maisiche 's a's fhearr a ghiulan na rinn e riamh roimhe, agus air barrachd urraim a nochdadh do na Gaidheil agus do na Ghaidhlig. Thugadh iad, mata, cuideachadh faoilidh, mhaith dha, 's cuiridh esan gu buil onorach gach airgiod a gheibh e. Co nach abair:-

"Fuilt ort fein, a MHIC-TALLA,
A' cheud latha de 'n bhliadhn' ùir,
'S gu ma h-iomadh bliadhna a chi thu dhiubh
Mun dall an t-eug do shùil;
Sior ghuidheam failt' us furan duit
Le cridhe sunndach, slan,
'S gu bi do thigh gun snidhe ann,
'S do chiste mhine làn.

CONA.

[TD 218]

[Vol. 6. No. 28. p. 2]

Eachdraidh nan Caimbeulach.

Tha e 'na aobhar toileachaidh do gach fìor Ghàidheal gu bheil an t-àm air dol seachad anns an robh daoine de 'n bheachd nach robh ni a bhuineadh do 'n t-sluagh Ghàidhealach no do 'n dùthaich a bha airidh

air suim air bith a ghabhail dheth. Bha Goill 'us Sasunnaich de 'n bharaill nach robh anns na Gàidheil ach sluagh borb, aineolach, aig nach robh aithne no tuigse, modh no ionnsachadh; agus nach robh aon chuid an eachdraidh no an litreachas fiughail air gu 'm biodh iad air an rannsachadh.

Nis, tha sinn ag aideachadh gu 'n robh coire mhor aig na Gàidheil fhéin ris a chùis a bhi mar so. Cha do nochd iad gun robh mor luach aca fhéin air eachdraidh agus cliù an sinnsir. 'Nuair a dh' fhalbh na seanachaidhean da 'm bu dhleasan a bhi cumail suas le beul-aithris cliù agus eachdraidh nan laoch nach robh beò, cha robh ach fìor bheag oidhirp air a thoirt a chum na nithe sin a chumail air chuimhne. Dh' fhàs na cinn-fheadhna, iomadh dhiu, ni bu deigheala air beartas a dheanamh agus air fasanan agus mor-chuis nan Gall fhoghlum, na bha iad air eòlas fhaotainn air eachdraidh an sinnsir. Lean a chùis mar so ùine fhada. Ach tha ath-leasachadh mor air tighinn air a chùis so anns an linn anns a bheil sinn beò. Tha na Gàidheil iad fhéin air dùsgadh bho 'monais ann an tomhas math; agus tha an diugh na daoine is foghlumte anns an t-saoghal ag aideachadh luachmhorachd ar cànan agus ar n-eachdraidh, agus geallmhor air an tuilleadh rannsachadh a dheanamh air na nithe sin.

Tha eachdraidh àireamh mhaith de na fineachan Gàidhealach air an sgrìobhadh le uaislean anns a Ghàidhealtachd, Tha Mr. Alasdair Mac Coinnich an Inbhirnis, air Gàidheil an t-saoghail gu h-ìomlan a chur fo chomain da air son an obair mhath a tha e air a dheanamh anns an rathad so. Ach ged tha eachdraidh iomadh de na fineachan Gàidhealach againn a nis an clò, 's ann 'sa Bheurla tha iad. Cha 'n fhios domh gu bheil aon diu air an cur a mach ann an Gàidhlig. Tha na leanas na oidhirp air cunntas athghearr, firinneach a thoirt do luchd-leughaidh MHIC-TALLA air aon de na fineachan a bha 'sa tha ainmeil am measg an Gàidheal.

Tha cuid de luchd-eachdraidh a' cumail a mach gur ann á Normandi, 's an Fhraing, a thainig a cheud fhear de na Caimbeulaich; gun d' thainig e do Bhteatuinn maille ri Uilleam am Buadhaiche; agus air dha dol a tuath cho fad ri Earra-ghàidheal gun do phòs e aon nigean fir d' am b' ainm O' Duibhne, a bha 'na uachdaran air Loch-Odha; gur e Ridire <eng>Campo Bello<gai> a b' ainm no bu <eng>title<gai> da; agus, mas a fìor, gur ann uaitheasan a thainig an t-ainm Caimbealach. Cha 'n eil sinn a creidsinn lide dheth so. Cha 'n e Frangaich ach fìor Ghàidheil a tha anns na Caimbeulaich. 'S e b' aobhar do 'n chùnntas neo-fhirinneach ud, am bòsd aimideach a bha cumanta 'measg uaislean Gàidhealach, ceud bliadhna no còrr air ais, eadhon a bhi meas gu 'm bu chliù mor dhaibh na 'm b' urrainn iad a nochdadh gur ann á tir chéin air chor-eiginn a thainig an sinnsir. Tha 'n fhaoineis so air dol bàs gu tur. Car son nach bitheadh? Nach eil e cho urramach duinn a bhi air ar n-ainmeachadh air gaisgeach Gaidhealach 's a bhiodh e bhi ainmichte air Frangach, Lochlunnach no Eadailteach air chor-eiginn.

Aon ni tha soillear, gun do shiòlaich an 'sluagh lionmhor nach gann' so, bho fhear Duibhne, a bha chòmhnuidh an Loch-Odha. Theirear mar sin Clann Duibhne riu gus an latha an diugh. 'S coir duinn cumail

air chuimhne nach e Duibhne so an aon neach ri Diarmaid O'Duibhne, mac peathar do Fhionn mac Chumhail, aon de ghaisgich na Feinne, a bha beò mu 'n bhliadhna 283. Bha Duibhne Loch-Odha bho 'n do shiolaich na Caimbeulaich, beò mu 'n bhliadhna 1050. 'S urrainn sinn mar sin a dhol air ais le cinnte cho fad ri meadhon an aona ceud deug, no mu 'n cuairt air ochd ceud gu leth bliadhna, le toiseach ar n-eachdraidh.

(Ri leantuinn.)

COMHRADH

EADAR MURACHADH BAN AGUS COINNEACH CIOBAIR.

COIN.—Tha 'n Goirtean-Fraoich sona an diugh agus Murachadh Ban an taobh a stigh d'a chriochaibh. Cha chomas domh innseadh an toilinntinn a ta oirne gu leir gu 'n d' thainig thu, a charaid ionmhuinn, a reir do gheallaidh; agus na 'm bithinn-sa co fileanta, snas-chainnteach ri iomadh fear, chuirinn-sa do chliu an ceill ann an rannaireachd; ach dhiult na deich oighean sin a ta 'chomhnuidh (mar a bha thu ag innseadh dhomh) air stucaibh ard Pharnasuis, comas na teangaidh dhomh chum sin a dheanamh. Ach an deigh sin uile cha lugha an durachd a th' agam dhuit, agus an solas a ta 'lionadh mo chridhe air son do theachd.

MUR.—Cha 'n fhac' agus cha chuala mi riamh thu cho deas-bhriathrach agus cho gleusda leis an teangaidh 's a tha thu an diugh, a Choinnich; is cinnteach leam gu 'n d' rinn thu greim air aon no dithis de na h-oighean sin air am bheil thu ag iomradh, agus aig am bheil tàmhachas, mar a thubhairt thu, air mullach Pharnasuis. Ach ciamar a fhuair Fear a' Ghoirtean-Fraoich eolas air na Ceolraidhean sin, agus co a dh' innis da mu 'n timchioll?

C.—A Mhurachaidh Bhain, is neonach leam do cheist. Fhuair Fear a' Ghoirtean-Fraoich eolas air na Ceolraidhibh agus air iomadh ni eile uait fein; a charaid, mar a ta deagh-fhios agad. Ach, a charaid choir, suidh a stigh ris an teine, agus dean thu fein co soimeach, socrach 's is urrainn thu. Ma tha do chaisbheart fliuch no aithidh, tha osain agus brogan ni 's leoir aig Seonaid; agus co d' am bu choir di an tabhairt air thoiseach air Murachadh Ban? Ach mo dhi-chuimhne! is luaithe deoch na sgeul,—far nall am botal dubh, agus an t-slige-chreachainn, a Sheonaid, a ghraidh, oir is feairrte do charaid sgailc, bheag de dhruhd nam beann, gus am bi goireas ni 's fear agad deas. So, so, air do shlainte, a Mhurachaidh. Far do lamh, agus na h-uile la leat, “An la a mharbhas tu fiadh, agus an la nach marbh.”

M.—Tha nair' orm, a Choinnich, an dragh agus an trioblaid a tha Seonaid agus thu fein a' gabhail do m' thaobh-sa. Da rìreadh, cha 'n eil feum idir agam air bad de na tha umam atharrachadh, oir tha mi co tioram ri àrcan, o bharr gu bonn, agus cha 'n aithne dhomh an diugh ciod a dh' fhagadh air 'chaochladh mi, oir tha 'n la taitneach, tiorail, tioram, agus ged tha boglaichean air an t-

slighe, gu sonraichte anns a' Ghleann-Mhor, tha deagh shùilean 'n am cheann chum an seachnadh.

C.—Cuir riut, a Mhurachaidh, cuir riut, gabh deur beag dhe 'n stuth sin aig Seonaid, agus tog greim dhe 'n aran agus dhe 'n chàise, gus am bi ni 's fearr r'a fhaotainn; direach dean thu fein aige a' bhaile.

M.—Is druchd nam beann so da rìreadh, air am bheil iomadh deagh bhuidhe. Tha e mar a rinneadh e—cha do bhaisteadh e riamh, agus cha 'n eil droch fhaile na cise dheth.

C.—Cha mheallar gu h-ealamh deagh bhreitheamh, a Mhurachaidh, oir tha thu gle cheart. Tha 'n druthag sin saor o uisge, agus ceart co saor o'n chis. Rinneadh e 's a' Ghlaic-Bhuidhe o chionn leth-bhliadhna, le Gilleasbuig Mac Dhonuill-duibh, agus is maith an lamh air an obair e, na 'm biodh cead na coise aige. Ach tha eagal nan Gaidsear air, agus cha 'n ann gun aobhar. Tha 'n sean-fhocal ag radh, "Nach d' rinn Theab riamh cron," ach cha 'n fhior da sin. Theab an Gaidsear Gilleasbuig bochd a ghlacadh an uair a bha e 'deanamh na boinne bige so 's a' Ghlaic-Bhuidhe, 'n a bhothan uaigneach fein. Chunnaic a shuil fein an Gaidsear mar uidh cheud slat o'n bhothan; bhuaill an t-eagal e; 'na chabhaig chuir e soitheach na ruith-shingilte thairis, agus dhoirt e a dharna leth, agus cha bu bheag an dorran sin.

M.—An deachaidh an Gaidsear do 'n bhothan?

C.—Cha deachaidh, gu fortanach, oir bha e air a thogail ann an slochd eadar da chreig, air a coimhdachadh le fraoch a bha 'fas os a chionn, agus air a chealachadh co maith 's nach do thuairmeis an Gaidsear idir air, ged a rinn e deagh rannsachadh air a shon, air da a bhi o mhoch gu dubh air feadh chreagan agus choilltean na Glaice-Buidhe.

M.—Ciod a dh' fhag co dian, deas-diorrasach e 's a' Ghlaic-Buidhe, seach aite sam bith eile.

[TD 219]

[Vol. 6. No. 28. p. 3]

C.—Ma ta, innsidh mi sin d'uit, a Mhurachaidh, thugadh brath dha gu 'n robh a leithid de bhothan ann.

M.—Brath dha! an e tha thu 'g radh? Brath dha! Tha 'n truaigh air a' ghnòthuch; ach tha mi 'n dochas nach eil anam co mi-dhileas 's na crìochaibh so, 's gu 'n treigeadh e coimhearsnach, agus gu sonraichte Mac Dhonuill-duibh, mac an deagh athar. Is nair' r'a chluinntinn gu 'm biodh aon neach a bhrathadh a choimhearsnach r'a fhaotainn anns a' chearnadh so, an uair ann am bliadhna Thearlaich, nach d' fhuaradh fiu a h-aon a bhrathadh am Prionnsa ged a ghealladh deich mìle fichead airgid mar dhuais air a shon.

C.—Tha eagal orm, a Mhurachaidh, gu 'radh riutsa, agus cha 'n ann ri Gall, gu 'm faighteadh na ficheadan an diugh am measg nan Gaidheal a bhrathadh e air son deich mile fichead sgillin Shasunnach.

M.—Ach co a rinn brath air Gilleasbuig Mac Dhonuill—duibh a tha 'na dhuine cho neo-lochdach?

C.—Co ach duine dona, suarach—creutair beag, crotach, d' an ainm <eng>Leslie<gai> as a' Ghalldachd, a bha an toiseach 'na charbadair aig Sir Seumas, agus dhealaich e ris air da nighean Cailleach nan cearc aige a phosadh; agus tha e a nis ann am bothan beag, a' teachd beo, tha mi lan-chreidsinn, air a' mheirle! Dh' iarr e coingheall an eich bhain air Gilleasbuig coir air la àraidh, agus thuirt Gilleasbuig ris, “A phiollain gun diu, tha 'n t-each ban marbh ri taobh a' gharaidh ud thall, ach ged bhiodh e beo cha 'n fhaigheadh tu e.” Ghabh Leslie so 's an t-sroin, agus air ball rinn e brath air Gilleasbuig; ach cha robh moran a nasgaidh aig Tomlin an Gaidsear de 'n ghnothuch.

M.—Ciod a ghne fir a tha 'n Tomlin?

C.—Tha sgonn-bhalach mor, drabasda, duaichnidh, a' crathadh le reamhrachd, agus aig gach ceum a' sileadh falluis mar bhuideal eu-dionach. Bha e 'cur neach 'n am chuimhne nach fhaca mi riamh, agus a chaidh, a reir coslais, nach faic, agus 's e sin, an tagradair mealltach, <eng>Arthur Orton,<gai> a bha 'cumail a mach gu 'm b'e fein <eng>Roger Tichborne.<gai> Chunnaic mi a dhealbh gu tric ann an Eirinn, agus cha 'n fhac mi riamh e, nach do chuimhnich mi air Tomlin mor, an Gaidsear dubh agam fein. Ach dh' fhalbh e, agus is comadh co dhiubh, oir cha duirig neach poc a chur an toll, no am poll uisge, no poit-dhubh air teine air eagal nam fear sin a tha rannsachadh na dùthcha mar bhrocairean an deigh nan sionnach. Is anabarrach cruaidh an lagh, a Mhurachaidh, nach eil a' ceadachadh do dhuine gach ni a's toil leis a dheanamh le chuid dhlighich fein. Cha 'n eil e idir ceart, oir tha e an aghaidh naduir. Cuid duine fein, an ni sin a choisinn e le fallus a ghruaidh! nach cruaidh ri smuaineachadh gu 'm biodh reachd, no lagh sam bith 'g a bhacadh chum na thogras e a dheanamh leis.

M.—Cha 'n eil fios agam air sin, a Choinnich, oir “tha da thaobh air a' Mhaoil,” agus tha da bharrail gu bhi air an gabhail de 'n chuis sin. Tha cead agad aran a dheanamh dhe 'n eorna agad fein, agus a chur gu feum mar sin, air son maith do theaghlaich, ach cha 'n eil cead agad, air chor sam bith, uisge-beatha a dheanamh dheth gun fhios, agus gun ordugh 'an luchd-riaghlaidh, agus tha sin ro cheart. Na 'm biodh an cead so aig na h-uile mhilleadh iad, mar an ceudna, an dùthaich le misg agus ana-measarrachd, agus dh' fhagadh iad toll mor, falamh ann an sporran mor na rioghachd, leis na cisean a chumail air ais, a thu 's an àm air an tarruing o'n deoch laidir.

C.—Tha mi 'faicinn gu 'm bheil moran firinn anns na thubhairt thu, a Mhurachaidh, oir bu mhor am beannachd do iomadh neach mar biodh deur dheth 's an rioghachd air fad. A reir mo bheachd—sa tha e mar

shochair eile 'n a aite fein. Tha e ro fheumail air amannaibh-'na dheagh sheirbhiseach, ach 'n a dhroch mhaighstir. Mo through an neach air am faigh e ard-cheannas. Gidheadh, mar a thubhairt mi cheana, tha e ann an tomhas cuimseach mar bheannachd aimsireil eile, agus cha chreid mi gur peacadh sam bith do dhuine 'fheumalachd fein a ghabhail deth, mar a ghabhas e de ni sam bith eile a tha toirbheartas an Fhreasdail a' buileachadh air.

M.—Cha'n urrainn mi 'radh, a Choinnich, nach 'eil mi fein gle dhluth air a bhi dhe 'n bheachd cheudna. Ach their cuid riut gur peacadh mor barr na teangaidh a thumadh ann, no am boinne a's lugha dheth a chur 'n bheul. Tha iad dian dhealasach 'n am beachd fein, agus cha 'n eisd iad ri reusan no ri tuigse. Tha iad a' deanamh 'mach, do bhrigh gu 'm bheil deoch laidir 'n a h-aobhar iomadh truaigh agus sgrios anns an t-saoghal, gur peacadh do dhuine an gnothuch a's lugha a bhi aige rithe, no eadhon beanntuinn rithe idir. Dh' fheudadh iad co maith a radh gur peacadh greim ubhaill a chur 'n ad bheul, a chionn gur e itheadh an ubhaill a bha 'n a aobhar air gach sgrios agus amhghar anns an t-saoghal. Aidichidh mi, gidheadh, air an laimh eile, gu 'm bu sholasach an ni do 'n Rioghachd Bhreutannaich nan cuireadh na h-uile cul ris an deoch laidir sin, agus nach biodh iad idir 'g a cleachdadh, mur comusach dhoibh a ghabhail le stuamachd. Ach deanadh iad sin air steidh cheairt, agus deanadh iad e gun ghealladh, gun mhionnan, gun bhoid, gun ni sam bith aca Focal De agus an coguisean fein 'g an stiuireadh. Na biodh iad ag iarraidh cur a's do 'n aobhar truaighe sin le bhi 'togail air steidhibh meallta, a' carnadh suas bhoidean agus ghealltanasan, agus 'g an sparradh le danachd air an t-sluagh, mar nach biodh Focal Naomh Dhe 'n a riaghailt iomlan agus freagarrach ann fein, air son giulan agus caith-beatha an duine anns an t-saoghal so.

C.—Fagaidh sin mar sin fein e, a Mhurachaidh, agus bu taitneach an ni na'n gnathaicheadh na h-uile stuamachd agus measarrachd anns na h-uile nithibh, agus gu 'n giulaineadh siad iad fein ann an cothrom agus ann an ciuineas maille ris gach neach eile. Bu ghleusda, tapidhe, a thaobh nadair, gun ghuth a toirt air na buaidhibh spioradail a bhuilicheadh air, an ti a thug a' chomhairle a leanas, o cheann fadh, seachad:—"Biodh bhur measarrachd follaiseach do na h-uile dhaoinibh." Tha nadur, reuson, agus taisbean, a' deanamh mach gu'm bheil staid mheadhonach ann eadar da iomall criche, agus gur i sin an staid a's sona, a's glice, agus as fearr. Cha 'n 'eil an duine sin glic a theid dh'ionnsuidh na cuid a's faide a mach a thaobh ni sam bith. Cha 'n 'eil e glic do dhuine a bhi tuilleadh 's dian 'n a bharrail fein, no tuilleadh 's balbha. Seasadh e 's a' mheadhon thaitneach, eadar dha anabharr, agus na seoladh e tuilleadh 's ard no tuilleadh 's iosal. Faic ciod an strith tha crochadan an uaireadair mhoir a' deanamh gu seasamh 'n a thamh, eadar null agus nall, nall agus nall, na 'n leigteadh leis; agus ceart mar sin tha gach ni thaobh giulan an duine gu bhi measarra, meadhonach, agus stuama.

M.—Ud! Ud! Ud! a Choinnich, is tu a dh' fhas geur, foghlumte, agus fiosrach mu gach cuis. Tha mi gu cinnteach ag aontachadh leis gach lide a labhair thu; ach ciamar a thainig thusa gu beachd a ghabhail

de na cuisibh sin uile? oir cha tric leo-san aig am bheil e mar dhreuchd a bhi 'gleidheadh nan caorach, an inntinnean fein a chur troimh a cheile le ceistibh diomhra de'n ghne sin.

C.—Thainig mise gu beachd a ghabhail air na nithibh sin o bhi 'leughadh mu 'n timchioll. Ach so tha mi 'g radh, a Mhurachaidh, tha eagal orm gu'm bheil thusa a' deanamh tair air dreuchd na buachailleachd, agus ma tha, cha 'n 'eil barrantas sam bith agad air son sin a dheanamh. Tha deagh fhios agad-sa gu'n robh a' bhuachailleachd 'n a dreuchd ro urramaich anns na ceud linntibh. Bha ar roimh-aithrichean ach beag gu leir 'n an aodharaibh, agus cha do mheas iad e 'n a thamailt an ceud mhac agus nighean a chur a ghleidheadh nan caorach. Agus co a's fearr fios na thu fein, a charaid, gu'n robh righ Israeil fein an toisich 'n a bhuachaill air machraichibh Bhetleheim; agus cha 'n e sin a mhain ach mar an ceudna Esan air an robh Daibhidh 'n a shamhladh a thubhairt le 'bhilibh beannuichte. "Is mise am Buachaill maith, agus is aithne dhomh mo chaoraich fein, agus aithnichear le 'm chaoraich fein mi."

M.—Ud! Ud! a Choinnich choir, tha thu 'nis a' ruith air falbh leis na cliathaibh gu buileach orm. Cha do smuainich mise riamh air tair a dheanamh air do dhreuchd, no ort fein 'n ad thigh fein, no ann an aite sam bith eile fo 'n ghrein; oir tha barrachd meas na sin agam ort fein agus air do theaghlach. Ach gun teagamh chuir thu iongantas

(Air a leantuinn air taobh 222.)

[TD 220]

[Vol. 6. No. 28. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 7 IANUARaidH 1898

Litir as an Iar-Thuath.

FHIR-DEASACHAIDH IONMHUINN,—Anns an litir so gheibh sibh dolair airson bliadhna eile d' an phaipeir, agus ma 'n dichuimhnich mi e, tha mi 'guidhe Nollaig thoilichte 's Bliadhn' Ur chridheil dhuibh fhein, do MHAC-TALLA 's da luchd-leughaidh. Cha 'n eil an geamhradh so cho garg, no cho trom sneachda 'sa bha 'n geamhradh an uiridh, ach tha 'chuid a's miosa gu'n tighinn fhathast, 'us bha cheud chuid deth fuar gu leor cuideachd. Chaidh moran cruithneachd a reic anns a chearna so am bliadhna; ' shaoileadh duine gu 'm beathaicheadh e roinn mhath de 'n t-saoghal. Rinn tuathanaich aig an robh moran fo bhàrr pasg math dholairean a chur m'a seach; bha phris bho 70c gu 80c am buiseal; cha robh 'm buntàta ach dona, agus an coirce, bha e na bhàrr aotrom cuideachd an taobh so.

Tha duine 'nar measg an so, a tha gle phongail, 's aig a bheil naigheachdan gu leor, 'na chumadh caguadh ri MAC-TALLA latha 'us bliadhna, na 'm biodh e comasach air Gàilig a sgrìobhadh. Cha 'n e mhain gu 'm bheil seann naigheachdan aige, ach ma theirigeas da, bheir e feadhainn ùra, bhriathrach as a mholtair cho luath 's a' dh' éisdear riutha; bheir sinn Uisdean mar ainm air, agus dh' innis e do Dhùghal, a sheann nàbuidh, mar a leanas 'sa choille an latha roimhe: "Bha mi," ars esan, "nam sheasamh aig ceann an taighe feasgar an dé, greiseag ma 'n deach a ghrian fodha; sùil d' an thug mi as mo chionn, chunnaic mi meall mor geal eadar mi 's nèamh. Ghabh mi fiamh eagail an toiseach, a dhuine, oir smaointich mi air Elish. Ruith mi steach a dh' iarraidh nan glaineachan, oir cha 'n eil mo fhradharc idir cho math 'sa bha e aon uair, 'sa chithinn a ghrian ag eiridh fada, fada mu 'n nochdadh i; ach coma co dhiubh cha 'n eil fath a bhi gearain. Thill mi 's bha 'm meall mar gu 'm bitheadh e 'deanamh dìreach air a ghealaich, (thuir mi roimhe gu 'n robh ghrian air a dhol fodha)." "Gun teagamh," arsa Dùghal. "De bh' ann ma ta," ars Uisdean, 'se leantuinn, ach baloon an duine sin a chaidh a dh' iarraidh ceann a tuath an t-saoghail. Thug mi 'n aire gu 'n robh curachd oidhche dearg ma cheann gach duine bh' ann, 's bior tombaca neo cigar am pluic gach fir diu. Bha grunnan chalaman air faraidh ann, 's litir bheag air a sgrìobhadh le inc dhearg, ceangailte ri cas gach fir dhiu. Ruith mi null thun a chnuic ud thall, oir bha toil agam faighinn am bruidhiun nan daoine. Dh' éibh mi 'Holó shuas a sin,' anns a chanain aca fhéin, (cha tuig thus i, ach dh' ionnsuich mise i 'n uair a bha mi aig an iasgach). Chual' iad mi, oir stad iad leis a bhaloon 'us thainig iad a nuas ann an astar bruidhneadh 'us fhreagair iad, 'Co sud shios air talamh?' Dh' innis mi, 's dh' fhoighneachd mi ciamar a chaidh leotha. 'Chaidh,' ars André,—oir 'se sin ainm an duine—'cùisean gle fhàbharach leinn gus an robh sinn faisg air ar ceann-uidhe, am pole, 's bu mhaide eireachdail e da rìreadh, ach bha biast aognaidh na shuidhe na mhullach, 'us bha 'n anail aige cho fuar 's cho gailbheach 's nach d' fhuair sinn na b' fhaisge na fichead mìle dha. Co bh' ann ach Zero, agus gu dearbh cha 'n iarrainn a bhi cho faisg air gu brath tuilleadh. Mar sin b' éigin tilleadh. Dh' fhuadaicheadh an taobh seo sinn, agus tha sinn a nis a' dol suas cho àrd 's nach cuir gluasad

na talmhainn dragh oirnn, agus an uair a chi sinn ar dùthaich fhéin fodhainn cha bhi againn ach gabhail a nuas dhachaidh.' Dh' fhag iad slàn agam 'us chaidh iad as mo shealladh a' seinn, 'Eilean an Fhraoich,' am measg na reul."

'S mise ur caraid,
S. N. MAC FHIONGHAIN.
<eng>Moosomin, N. W. T., <gai> 27, 12, '97.

Gheibhear anns an aireamh so a' cheud chuid de dh'eachdraidh "ghoirid, fhirinneach" a tha aon de ar càirdean a sgrìobhadh air na Caimbeulaich. Tha fhios againn gu'n leabh luchd gabhail MHIC-TALLA an eachdraidh so le tlachd. 'Se so a' cheud oidhearp a thugadh riamh air eachdraidh aoin de na fineachan Gàidhealach a sgrìobhadh ann an cainnt an dùthcha fhéin, agus bu chòir am meas sin a chur oirre. Bheireamaid comhairle air gach neach is urrainn, an eachdraidh so leughaidh gu cùramach mar a thig i mach agus ma ni iad sin cha bhi an t-aithreachas orra.

Gabhaidh an luchd-leughaidh ar leisgeul air son am paipear a bhi car fadalach a' tigh'nn a mach air an t-seachdain so. Fhuair sinn inneal ùr clo-bhualaidh a stigh air an t-seachdain s'a chaidh, agus eadar gach dragh a bh'againn 'na ceann, agus cumail na Nollaig 's na Bliadhn' Uire, chaidh an obair beagan air deireadh oirnn. Ach air an t-seachdain s'a tighinn, tha sinn an dòchas am paipear a bhi mach aig an àm àbhaisteach.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers, <gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgriobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 221]

[Vol. 6. No. 28. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Is baile mor Lunnainn, da-rìreadh; thatar a' meas gu bheil còrr us
sia milleanan sluaigh ann a nise. 'S uamhasach an àireamh sin ann an
aon bhaile.

Bha a' bhliadhna dh' fhabh 'na bliadhna bha anabarrach math do
thuathanaich Bhreatainn. Bha gach seòrsa barra gle mhath. Cha robh
iad cho math dheth o chionn deich bliadhna 'sa tha iad air a'
gheamhradh so.

Bha Mac-an-t-Saoir, a bha aig cùirt air son tigh a chur 'na theine
ann a' <eng>Windsor<gai> an latha chaidh am baile sin a sgrios, air
fhaotainn ciontach, agus fhuair e coig bliadhna dhe 'n tigh-obrach.
Tha fear eile, Fletcher, 'ga fheuchainn air son na cionta cheudna.

Tha aon de na paipearan Frangais a bha ann am Montreal air a dhol
bàs, an deigh a bhi 'ga chur a mach faisg air leth-cheud bliadhna.
'S e b' ainm dha <eng>La Minerve,<gai> 's bhatar 'ga chur a mach a
h-uile maduinn. Cha 'n eil paipear maidne Frangais ann am Montreal a
nise idir.

Thachair droch sgiorrach do Iain Gasper am <eng>Brook Village<gai> o
chionn ghoirid. Bha e 'g obair timchioll air muileann-bualaidh, agus
rinn pairt de'n inneal greim air, 's chaidh a làmh a thoirt dheth
bho 'n uilinn. Bha e gle fhad air ais, ach tha sinn toilichte
chluinntinn gu bheil e nise dol am feobhas.

Chaochail an t-Urr Uilleam Burns, aon de mhinistearan na h-Eaglais

Chleirich ann an Toronto, la na Sabaide s'a chaidh. Bha e aig tiodhlacadh agus air ceann 'na seirbheis 'nuair a thuit e marbh, air a bhualadh le tinneas a chridhe. Bha e tri fichead bliadhna dh'aois, agus dh'fhag e bean agus coignear chloinne. Bha deagh eòlas air Mr. Burns air feadh Chanada air fad.

Bha dithis dhaoine a' cumail taigh-òil air a chrich eadar na Stàitean agus Cuibeic, agus bha gnothuichean air a leithid de dhòigh aca 's 'nuair a thigeadh maoir Chanada gu 'n cuireadh iad na bh' aca de stuth làidir air taobh nan Stàitean de 'n tigh, agus 'nuair a thigeadh maoir nan Stàitean orra, chuireadh iad air taobh Chanada e. Bha iad mar sin a' cur lagh Chanada 's nan Stàitean gu dhùbhlàn re ùine fhada, agus bha 'n t-àite timchioll orra a fàs gu bhi na àite gle mhi-rianail. Ach aon latha o chionn ghoirid thaghail maoir Chanada 's nan Stàitean orra cearta còmhladh, agus mar sin rinneadh an gnothuch orra; chaidh càin throm a chur orra 's tha 'n tigh aca air a dhùnadh suas.

Tha sinn an dòchas gu 'n gabh ar luchd-leughaidh uile a' chomhairle a tha "Cona" a' toirt orra air taobh eile, agus gu 'n dean iad an uile dhìchioll air cuideachadh le MAC-TALLA air a bhliadhna so air am bheil sinn a' tòiseachadh. Tha MAC-TALLA a' deanamh a dhìchill ann a bhi toirt toil-inntinn agus fiosrachaidh dhaibhsan a tha e ruigheachd, agus air leinn nach mor an duais dha iarraidh air son a shaothair, dolair 'sa bhliadhna bho gach neach a tha 'ga ghabhail. Tha àireamh mhor a rinn gu math ris anns na bliadnaichean a chaidh seachad, agus tha e gu mor 'nan comain air a shon, ach tha àireamh tuilleadh us mor nach d' rinn ach gu h-olc ris, muinntir a chuir g'a iarraidh a' cheud no 'n darra no 'n treas bliadhna, agus a tha 'ga fhaighinn 's 'ga leughadh riamh uaithe sin, gun uiread us aon sgillinn ruadh a phàigheadh air a shon. Tha sean-fhacal ag radh gu faigh foighidinn furtachd; faodaidh gu bheil sin fìor, ach tha gach foighidinn a bha sinne cleachdadh ris an t-seòrsa luchd-gabhail ud air teirgsinn, 's cha bhi sinn a' feitheamh riutha na 's fhaide. Mur cluinn sinn uatha an ùine ghoirid, cluinnidh iadsan uaithe.

Thatar a nise a' cur flùir á Canada do cheann a deas America. Bha beagan air a chur ann o chionn beagan ùine air ais, agus rainig e ann an deagh òrdugh.

Chaidh sia fichead us da mhìle dheug (132,000) tunna guail a chur air falbh á Nobha Scotia an uiridh, a bharrachd air na chaidh a chur air falbh air a bhòn-uiridh. Chaidh sia fichead us trì mìle dhe sin a chur air fabh á Ceap Breatunn.

Chaidh Sir Tearlach Tupper á Winnipeg, ceanna-bhaile Manitoba, gu Lunnainn, far an do fhrithheil e da choinneamh, agus bha e air ais ann a' Winnipeg a rithist fichead latha 'n deigh dha 'fhàgail. Theid aig daoine air astar mor a dheanamh ann an ùine gle ghoirid anns na bliadnaichean so. Cha 'n eil e moran na 's doirbhe dhol do 'n t-seann dùthaich a nise na bha e dhol do Halifacs fichead no deich bliadhna fichead roimhe so.

Thachair sgiorrachd uamhasach ann an Lunnainn, an Ontario, oidhche

Di-luain s'a chaidh. Bha iad a taghadh Ard-Bhaillidh agus comhairlichean do 'n bhaile an latha sin, agus air an oidhche chruinnich mu dha mhile gu leth de 'n t-sluagh do thalla a bhaile a dh' éisdeachd ri òraidean uathasan a bha air an taghadh. Beagan mhionaidean an deigh naodh uairean bhrìst pàirt de 'n ùrlar fòpa, thuit mu dha cheud dhiubh sìos, agus bha mu fhichead air am marbhadh 's mu cheud gu leth air an leònadh. Bha e 'na shealladh uamhasach ri fhaicinn; na daoine marbha 's na daoine leòinte am measg a' chéile, 's an sluagh a' feuchainn ri ni eigin a dheanamh air an son. Thugadh da uair de thim air an toirt air falbh, agus bha na h-ospadail uile air an lionadh leotha. Bha an talla air a chur air dòigh as ùr beagan lathaichean roimhe so, agus bhatar a' smaoineachadh gu robh e sabhailte gu leòr.

Iadsan a Phaigh.

Alasdair N. Domhnullach, <eng>Port Morien<gai>
Donnachadh Moireastan, <eng>New Harris<gai>
Cairistiona I. Nic Neill, Cul <eng>Iona<gai>
Iain Mac Leoid, Beinn nan Sgiathanach
Domhnull Mac Gill-fhinnein, an t-Eilean Mor
Bean Iain Mhic Nimhein, <eng>Catalone<gai>
Màiri Cheanadach, Alba 'n Iar, C. B., 50c.
P. R. Mac-an-t-Saoir, Cnoc an Aoil 25c.
Donnacha Mac Ghiogair, <eng>MaNaughton P. O., N. S.<gai>
Alasdair Domhnullach, <eng>Double Hill, E. P. I.<gai>
Nial Camaran, <eng>Bunessan, Ont.<gai>
Seumas N. Mac Fhionghain, <eng>Moosomin, N. W. T.<gai>
Iain Murray, Marisbon, Cuibec, 75c
L. K. Mac-an-t-Saoir, <eng>Provincetown, Mass.<gai>
Padruig B. Mac Neill, <eng>Bangor, Maine.<gai>
Iain D. Mac Gilleain, <eng>Avalon, Cala.<gai>
An t-Urr. Iain Ceanadach, Caticol, Arrain Alba.

Bha Mr. Gladstone ceithir fichead bliadhna 'sa h-ochd a dh'aois Di-ciaduin air an t-seachdain s'a chaich. Ged a tha euslaintean na h-aoise a tigh'nn air an t-seann duine chòir, tha e ann an slàinte chuimseach mhath, agus faisg air a bhi cho geur 'na inntinn 'sa bha e riamh.

Tha cuideachd a tha cur air adhart obair-iaruinn ann an Feron, N. S., ann an Sidni an dràsda feuch ciod a mhisneachd a gheibh iad air son obair dhe'n t-seòrsa cheudna chur air adhart an so. Tha Louisburg aca 'san amharc cho math ri Sidni ach ma's fìor gach sgeul 's ann an Sidni as dòcha iad cur suas. Tha muinntir a bhaile so anns an dochas sin co-dhiu.

An do phàigh thu MAC-TALLA.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.
Brogan matha saor.
Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35
Orain Iain Luim
.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.
Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 222]

[Vol. 6. No. 28. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 219.)

nach bu bheag orm le farsuingeachd an eolais a leig thu ris dhomh o 'n chomhlaich sinn mu dheireadh, an coimeas ris na bha agad an uair a thainig sinn an car a cheile an toiseach.

C.—Tha taing a thaobh sin dligheach douit-sa ad aonar, charaid ionmhuinn; oir mar b'e thusa, bhithinn-sa an diugh co aineolach ri loth na h-asail fhiadhaich. Is tu a stiuir mi air mo chairdibh urramach na Gaidheil fhogluimte sin a thug gach eòlas domh ann an cainnt mhilis mo mhathair.

M.—Is comadh leam do bholaich agus do ghoileam, a Choinnich, oir is iad do dhichioll agus do dhurachd fein a rinn an gnothuch air. Ach faic, a charaid, faic ciod a chuir Seonaid choir air mo ghluin, o 'n chaidh thu a mach—mir mor de 'n chlodh ghlas, chum a leithid eile ri d' thrusgan fein a dheanamh' dhomh, agus O! nach aillidh an t-eudach e! Nach e tha min, moladh, maiseach, agus reidh! Cuir fios air Fionnladh tailleir gus an gabh e mo thomhas, agus gus an dean e mo chota glas air a' shocair. An uair a bhios e deas is furast dha a chur am ionnsuidh le neach eigin; ach gu cinnteach tha nair' orm air son caoimhneas Seonaid.

C.—Nair' thall no bhos, is comadh co dhiubh; ach so agad mar a bhios a' chuis, a Mhurachaidh, cha teid ceann no cas dhiot a so, gus an dean Fionnladh tailleir an cota gu maith 's gu ro-mhaith, ged a ghabhadh e caigeann sheachduin ris. Is tu nach caraich, fhir mo ghraidh, agus bi 'n ad thosd, agus na cluinneam focal tuilleadh as do cheann mu 'leithid do ni amaideach. Tha greim agam ort, agus cumaidh mi e gu daingeann Mur urrainn mise annad, foghnaidh Seonaid dhuit, agus cha soirbh an ni dol a liontaibh nam ban. Tiugainn a mach, agus rachamaid a dh'fhaicinn seann chaisteal Shir Seumas agus a ris bheir sinn suil air a' chrodh Eireannach gus am bi greim dinneir deas aig Seonaid.

M.—Ciod a smuainicheas iad aig a' bhaile, a Choinnich? cuiridh iad a mach air mo thoir mur ruig mi dhachaidh gun dail. Cha dean e an gnothuch idir.

C.—Cha 'n eagal doibh, oir cha smuainich iad gu 'n deachaidh Murachadh Ban ann an slochd, no air seacharan, o 'n tha deagh fhios aca gu 'm bheil e crionnta gu leoir chum an aire a thoirt dha fein. A Sheonaid, an cluinn thu mi? Cuir air falbh Seumas beag a dh'innseadh do Fhionnladh tailleir gu 'm bheil mise 'g a iarraidh am maireach. Biodh e an so aig naoi 's a' mhaduinn, thugadh e a chrios-tomhais leis, agus cuiridh sinn an diulnach air deananaich air a' chlodh ghlas.

M.—“Is dan, misneachail an coileach air a dhunan fein,” a Choinnich, agus cha 'n 'eil e modhail domh-sa a bhi 'cur gu dian 'n ad aghaidh, ach tha a la fein aig gach neach, agus cha 'eil fios nach faigh mise greim ort uair-eigin aig mo thigh fein, agus ma gheibh cha bheo mise mar toirear ortsa an ni so iocadh da fhillte, ged nach geall mi aon chuid cota dubh no glas dhuit air son do cheilidh. Rachamaid a nis a shineadh nan cas, agus thugamaid caisteal an Ridire oirnn agus a ris

tilgeamaid air suilean car sealain air an fheudal Eireannach.

C.—Rachamaid do 'n chaisteal an toiseach ma ta, a chum amharc air na seomraichibh greadhnach, agus air gach ea[?]nais a chithear annt, agus an deigh sin, bheir sinn suil air a' chrodh.

M.—Cuir ceum ann, a ghille mo chridhe gus an dean sinn a' chuid a's fearr d' ar n-uine, oir tha 'n la a' dol seachad.

C.—Thugamaid an dorus oirnn ma ta, agus a ris an caisteal, air am faigh sin lan chomus gu rannsachach o h-uilinn gu h-oisinn air do Shir Seumas fein a bhi ann an Lunainn aig an am.

M.—Ochan! a righ! nach ann an so tha na dealbhan—ach co i a' chailleach bheag, bhiorach ud, aig am bheil sron co geur 's gu 'n gearradh i caise?

C.—Is i sud seann-sean-mhathair Shir Seumas, agus tha e air aithris gu'n robh i anabarrach crion coirbte, crosda, re laithean a beatha; agus an uair chaochail agus a dh' adhlaiceadh i ann an Cladh-nan-cath, gu'n do dhiult a spiorad faire a dheanamh aon oidhche thairis air innis sin nam marbh.

M.—Tha e cosmhuil gu 'n robh a' chailleach bhochd dùr, rasgach, ceannairceach, an uair bu bheo agus bu mharbh i, ma 's fìor an aithris

C.—Ach ciod bu chiall do 'n bhairil neonaich sin, a bha moran a' creidsinn, agus a ta cuid a' creidsinn gu ruig an la an diugh?

M.—Tha e cianail r' a smuaineachadh am measg nam beannachd spioradail a tha sinn a' sealbhachadh anns an tìr shona agus shaor so, gu'm biodh aon neach r' a fhaotuinn a bheireadh geill anns a' chuid a's lugha do nithibh saobh-chrabhach mar so, gidheadh tha cuid ann a ta 'g an creidsinn; ach ciod a chual thusa mu na nithe faoine sin?

C.—Ciod a chual mi, an e tha thu 'g radh Chual mi an uair a dh' adhlaichear duine anns a' chladh, gu'm bheil a spiorad-san mar fhear-freiceadain air na mairbh a ta 's an àit'-adhlaic sin gu leir, agus gu 'm mair e anns an dreuchd dhuis-neulaich, oillteil sin gus an adhlaicear an ath chorp, an uair a ni spiorad a' chuirp sin a dhreuchd a thogail gus an tig an ath adhlac a ris, agus mar sin air adhairt gun sgur. Ach ma 's fìor an sgeul, 's i so an dreuchd ris nach gabhadh spiorad na caillich crosda, greannaich air an do ghabh thu beachd, gnothuch sam bith.

M.—Ach c' ait am bheil an saobh-chrabhadh muladach so 'g a chleachdadh?

C.—Ann an iomadh ait' air feadh na Gaidhealtachd,—ann an iomadh siorramachd agus ann an iomadh sgiorachd! Ach cha 'n 'eil duil agam gu'm bheil neach sam bith air an la 'n diugh a' toirt geill do 'n dian-chrabhadh so; ach cha robh a' chuis mar sin anns na linntibh a

dh' fhalbh. Cha 'n 'eil fad o 'n chunnaic mi mo charaid coir agus ceanalta, Sim Friseil o Inbhirnis,—duine suairce, stuama, creideasach, agus air an aobhar sin duine air am bheil mor-mheas le a luchd-eolais fein air fad. Thainig againn air labhairt mu na seann chleachdannaibh millteach, mearachdach aig na Gaidheil, agus dh' innis e domh gu'n robh e fein, agus ar caraid an Sgiathanach a' comhradh r' a cheile mu na nithibh faoine, amaideach so, agus gun robh deagh-chuimhn' aige air daoineibh 'fhaicinn ann an Cill-taraglain, agus ann an Cill-mhoraig, a bha 'creidsinn nan nithe sin ceart co cinnteach 's a bha iad a creidsinn sgrìobhanna an abstoil Phoil,—agus cha'n e sin a mhain, ach bha iad a' creidsinn nach fagadh an t-anam corp gu buileach, agus nach biodh fìor dhealachadh eatorra gus am biodh an corp air a chur 'n a shineadh 's an uaigh.

M.—O! a Choinnich, a Choinnich, an comas domh do chreidsinn? An urrainn e bhì gu'm bheil na nithe sin fìor?

Mu na Seann Ghaidheil.

LEIS AN URR. D. B. BLAIR, D. D., NACH MAIREANN.

IV.

B' iad na Picti no na Caledonaich Ghàidhealach luchd-àiteachaidh taobh tuath Albainn air tùs; ach mu'n bhliadhna A. D. 506 thàinig sluagh Gàidhealach eile a nall á h-Eirinn d' am b' ainm Scoti no na Scùitich a ghabh tàmh an taobh deas Siorramachd Earraghàidheil. B' iad na h-àitean anns an d' rinn iad tuineachas Còmhall, Cinntire, Cnapadal, Earraghàidheal, Latharna agus pàirt de 'n Mharbhairn, maille ri Eilean Ile, Arainn, I-challum-chille agus eileanaibh beaga eile mu'n cuairt doibh sin. Anns a' chuid eile de 'n Ghàidhealtachd bha na Picti a chòmhnuidh, oir b' iad ceud luchd-àiteachaidh Albainn. Bha an ceann-bhaile aca so fagus air Dùnchailean no Peart, agus b' i a' chrìoch eadar iad féin agus na Scoti na beanntan àrda sin a tha eadar siorramachd Pheairt agus siorramachd Earraghàidheil ris an abrar Druim-Albainn. Tha e coltach gu 'n robh an Dà fhine Ghàidhealach so a deanamh suas luchd-àiteachaidh Eirinn agus Albainn o 'n fhìor-thoiseach, agus gu'm b' iad na Pictich, ris an abair na seanachaidhean Eirionnach Cruithnich, an ceud dhream a ghabh còmhnuidh anns an dà dhùthaich. Cìod 's am bith fìr-dhealachadh a bha eatorra tha e coltach nach robh annta ach dà threubh de'n aon t-sluagh, dà theaghlach de'n aon chinneadh, aig an robh na h-aon ghnàthannan agus a bha 'labhairt na h-aon chàinaine. Bha na Cruithnich no na Picti an taobh tuath Eirinn ann am Mòr-roinn. Ulladh agus an ceann tuath Laighinn; am feadh 's a bha taobh an iar agus deas na h-Eirionn, 's iad sin Conacht, Munadh, agus ceann deas Laighinn air an àiteachadh leis na Scoti. B' iad na Pictich no na Cruithnich na ceud Ghàidheil a ghabh tuineachas an Eirinn agus an Albainn, agus roimh thoiseach na sèathamh lìnne a réir coslais,

cha robh Gàidheil 's am bith eile an Albainn ach iad féin. Ach aig an àm sin thainig trì ceannardan a nall á Eirinn agus leth cheud fear maille ris gach aon diubh. Leis cho tearc 's a bha iad ann an àireamh tha e ro choltach gur h-ann a fhuair iad cuireadh o Rìgh nan Caledonach gu tigh'nn a nall a riaghladh ann an Earra-ghàidheil gu bhi 'n an ceannardaibh air na Gàidheil a bha an sin anns a' chogadh ris na Deas Bhreatannaich, gus an cumail air an ais o bhi a' briseadh ni b' fhaide stigh air taobh siar na Gàidhealtachd. Oir tha e cosmhuil gur h-e bu ghnàth-obair do na Scoti Eirionnach a bhi a' sìor chogadh ris na Deas Bhreatannaich. Bha na seann Gàidheil Albannach a' cogadh riù mar an ceudna mar a chithear o 'n chogadh a bha aig Fionn riutha, 'n air a loisg e Baile-chluaidh no Dun-Breatann, ceann-bhaile nam Breatunnach a bha a chòmhnuidh ann an Srath-chluaidh. Anns a' cheud dol a mach cha robh aig na ceannardaibh Eirionnach so tiodal na b' àirde na an Toiseach no Triath no Ceann-feadhna, ach an déigh sin ghabh iad an tiodal Rìgh dhoibh féin, agus rinneadh Fearghus 'na rìgh gidheadh bha e fo uachd'ranachd Ard-rìgh nan Scoti ann an Eirinn, agus bhunaich a shliochd mar sin os ceann ceithir fichead bliadhna gus an do dhealaich iad ri cuing na h-Eirionn mu'n bhliadhna A. D. 590. Is ann mu'n àm so a thàinig Calum-cille a nall á h-Eirinn a shearmonachadh an t-soisgeil do na Gàidheil Albannach, 'n uair a bha Conull 'n a rìgh air na Scoti agus Brìde no Bruidai 'n a rìgh air na Picti. Bha lùchairt Bhrìde, rìgh nam Picteach, 's an àm sin aig Lochnis, ach tha e coltach gu 'n robh mar an ceudna Caisteal no Aros rìoghail eile aig na rìghribh so ann an Dùn-Chailleann no làimh ri baile Pheairt. Tha sinn a' leughadh mar an ceudna mu na Pictich Dheasach; bha an dara feadhainn diubh so air taobh tuath nan garbh-bheanntan <eng>(Grampians)<gai> agus an fheadhainn eile air an taobh deas diubh. Bha monadh Dhruim-Uachdair agus na Beanntan mòra sin a' cur dealachaidh eatorra; agus faodaidh e bhi gu 'n robh iad air uairibh dealaichte 'n an riaghladh, agus gu'n robh rìgh dhoibh féin aig na Pictich thuathach, agus rìgh eile aig na Pictich dheasach.

Do na Pictich dheasach bhuineadh am fearann a tha a nis 'deanamh suas siorramachd Pheairt, siorramachd Aonghais, Fiofa, Struileith, agus an tìr air taobh deas na Friu ris an abrar Lothian, gu ruig a' chrìoch Shasunnach. Do na Pictich thuathach bhuineadh a' chuid eile dhe 'n tìr gu ruig Gallthaobh agus eileanan Arcaimh. Agus bha Srath-chluaidh agus taobh an iar-dheas Albainn 's an àm sin aig na Breatannaich.

V.

Mu thoiseach na seachdamh linne bha ceithir fineachan a chòmhnuidh an taobh tuath Bhreatainn; b'iad sin na Picti, na Scoti, na Breatannaich, agus na h-Anglaich no na Goill. B'iad na Picti 'bu lìonmhoire agus 'bu treise dhe na fineachaibh so. Bha ceann tuath a h-Alba gu h-iomlan aca tuath air Cluaidh agus caolas na Friu ach a mhàin Earraghàidheal a bha aig na Scoti. Bha na Scoti an seilbh air Earraghàidheal agus Ile maille ri pàirt de'n Eilean Mhuileach agus

Eileanaibh beaga eile.—Bha na Breatannaich an Strath-Chluaidh agus an Dun-Breatann agus an ceann an iar-dheas na h-Alba.—Agus bha na h-Anglaich anns an tìr gu deas air caolas na Friu ris an abairteadh Braighnich <eng>(Bernicia)<gai> leis na seann Bhreatannaich, dùthaich a tha nis 'deanamh suas siorramachdan Haddingtoin, Dhun-Eidinn agus Linn-Liobhainn, ris an abrar gu coitchionn na trì Lothianan maille ri Berwick agus Roxburgh, fearann a choisinn iad leis a' chlaidheamh o na Picti mu 'n bhliadhna A. D. 547 'n uair a thàinig "Ida nam bratach teine" le 'chuid Ghall do thaobh Deas na h-Alba. B' e so ceud theachd nan Gall, no nan coigreach o Lochlainn agus o 'n Ghearmailt, gu tuineachas a ghabhail anns an dùthaich. Tha sliochd nan Gall so a' chòmhnuidh anns an tìr ud gus an là an diugh. Is ann á Northumberland an Sasunn a thàinig iad a stigh do thaobh Deas na h-Alba. B' àbhaist cogadh a bhi aig na Gaill Anglach so ris na Pictich mu thimchioll an fhearainn agus bha aon chath fuilteach aca air 20mh là de'n Mhàigh, A. D. 686, aig Linne Gharbhain ann an Siorramachd Aonghais, anns an do choisinn na Gàidheil Phicteach a' bhuidhe agus an do mharbhadh Egfrid mac Oswy rìgh nan Gall Sasunnach maille ris a' chuid dhe 'armailt. B' e Bruidhe a bha 'n a rìgh air na Picti aig an àm sin, agus bha uachdaranachd aige thairis air Eileanaibh Arcaimh. Mu thimchioll dà fhichead bliadhna an déigh sin A.D. 729, thàinig Aonghas Mac Fhearghais gu bhi 'n a rìgh 'bu mhò agus 'bu chumhachdaiche a bha am measg nan seann rìghrean Gàidhealach. Cheannsaich e gach aon de na Cinn-fheadhna ris an abairteadh rìghrean beaga 's an àm sin, agus thug e iad fo ghéill da féin mar an "t-Ard-rìgh" ni 's mò na b' àbhuist doibh a bhi roimhe sin. Mu'n bhliadhna 733 chaidh e a chogadh ris na Scoti an Earraghaidheal, cheannsaich e dùthaich Latharna agus Chapadail, agus thug e na Scoti fo chis do féin, agus chur e aon de a theaghlach féin d' am b' ainm Aodhan 'n a rìgh os ceann na tìre sin. Theirear "Rìgh Albainn" ri Aonghas leis na seanachaidhibh Eironnach, agus gun teagamh b' esan 'bu treise agus 'bu chumhachdaiche de na seann rìghribh agus is e a leag stéidh na Rìoghachd Albannaich mar a dh' fhàs i suas ann an linnibh an déigh sin. Thog e Eaglais ann an Cillrìmhìn agus mar an ceudna an àitibh eile, agus chuir e an rìoghachd aige féin fo chùram Naomh Aindreis agus mar onoir do 'n Naomh so chuir e air leth mòran de mhaoin aimsireil mar bheathachadh do na h-Eaglaisibh a thog e.

Mu'n bhliadhna 794 thòisich na Lochlannaich o thuath air taomadh a stigh air Eileanaibh na Gàidhealtachd, agus loisg iad I-Chaluim-chille, agus mhardh iad trì fichead agus ochd manach no pears'-Eaglais ann an I-Chaluim-chille. Thachair an gnìomh oillteil so anns a' bhliadhna 800, agus air an aobhar sin chuir Cusantin Rìgh nam Picteach suas Eaglais mhòr ann an Dun-Chailein mar Phrìomh Eaglais na Rìoghachd. B'e Cusantin so ogha Aonghais Mhic Fhearghais rìgh nam Picti, agus thug e mòran fearainn do Eaglais Dhun-Chailein. B' e so an rìgh ris an abradh am bàrd anns an Duan Albannach "An Curai calma Cusantin." Fhuair e bàs mu thimchioll na bliadhna 820 agus rìoghaich Aonghas a bhràthair 'n a àit', oir b'e an seann lagh Albannach gun tigeadh am bràthair an àite bràthar. An déigh sin thàinig a mhac féin agus mac a bhràthar gu bhi 'n an rìghribh, agus 'n uair a mharbh na Lochlannaich mac a bràthar fhuair mic Bhargoid, a phiuthar, rìoghachd, fear an déigh fir. B' e ainm a' cheud aoin

Fearchar agus ainm an fhir eile Bride na Bruidhe. 'N an déigh-san do bhrìgh gu'n do theirig na h-oighreachan firionnach air na seann Rìghribh Picteach fhuair Coinneach Mac Ailpein rìgh nan Scoti an Earraghàidheal an rìoghachd a chionn gu'm b' esan an t-oighre dligheach.

(Ri leantuinn.)

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY, Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 224]

[Vol. 6. No. 28. p. 8]

Oran Gaoil.

LE EOGHAN MAC-COLLA.

AIR FONN—"Hi ri ri 's ho ra il o, mo nighean donn is boidhche."

CO'-SHEIRM.

Thogainn cliu na h-ùr-bhean mhin
Fhuair 'san Réilig gaol mo chri:
'S beag an t-ioghnadh tuille 's mi
Bhi bristeadh 'n cridhe 'n tòir oirr'.

'S binn 'an seòmar ceòl nan teud,
'S binn 'san fhàs-choill àl nan geug;
'S binne na iad uile 'm beul
Bu mhiann leam féin bhi pògadh.

Thug an t-ùr-ros, flùr nam buadh,
A dhath gaolach féin d'a gruaidh;
'S fàile caoin subh-craobh nam bruach,
A h-anail fhuair gun fhòtus.

'S geal an lilidh tim a' Mhàigh,
'S gile no sud cneas mo ghràidh;
Comhnuidh chaoin a' chridhe bhlàth,
B'e 'n trusdar dh' fhàgadh breòit i.

Ciod an atà bhi 'cur an géill
Dreach a blàth-shuil làn de ghaol,
Cha 'n eil sùil a' chalmain féin
A leth co maoth-ghorm bhoidheach.

Cha 'n eil mil an t-seillein chiar
Idir milis làmh r'a bial;
'S shaoileadh tu gur ann bho 'n ghrian
A fhuair i fiamh a h-òr-fhalt!

Ruathar Mhic-Mhuirich.

AIR EADAR-THEANGACHADH BHO BHEURLA AYTOUN, LE ALASDAIR MAC NEACAIL.

Rinn Mac Mhuirich bòid
An aghaidh Cloinn Mhic Thàbhais,
Chaidh 'thogail creich' na 'n tìr,
Le rèubainn is le ànnradh;
Oir mhionnaich e gu teann,
Gu 'n sgriosadh e bho 'n tìr iad;
Le cuig-thar-fhichead fear,
Is deich-thar-fhichead piobair!

Ach 'n uair 'rainig e
Sios mu leth Srath-Chànain,
Cha robh dhe 'chuid seoid
Ach na triuir 's an làthair:
Sud na bha ri chùl,
Gu dion 'an àm na tuasaid,
Cach bha thall 'sa bhos,
A cuir a chruidh air fuadach.

"Ro mhath!" ars Mac Mhuirich,
"Chaidh ar cliu a dholaidh!
Ghillean, feumar spàirn,
Air beothach mu 'n teid corrag!
So Mac-Mhic-Mhethusalah,
'Tighinn le 'chuid sluaigh,
Tri fichead fear 's a tri,
'S na h-uireid de dhaoin'-uaisle!"

(ARSA MAC-MHIC-MHETHUSALAH.)

“Fàilte mhaith dhuibh fein!
Nach sibhse Triath nan Cattan?
Co dha 'm bheil ur céilidh,
'An àm 'tigh'n so air astar?
So! So! mhic a choin!
Tha sea ceud bliadhn' bho 'n dhùraig
Annail bheo na'm ghleann
Tigh'n air turus spùinnidh.”

(ARSA MAC-MHUIRICH.)

“Dè sud 'tha thu 'g radh?
Tha do bhathais làidir;
Seallam dhuit, a bhobag,
Ciod e 's cubhaidh gnàth dhuit.
Cha 'n eil latha tuilleadh
Agad gu bhi beò,
Thugad bho mo ghunna,
'S bho 'n chladheamh 'tha na m' dhòrn!”

'S ait, 'n àil', an sgeul!
Arsa Flath Chloinn Thàbhais,
'S furasda dhomh fhéin
Stad 'chuir air do rànaich'.
'N sin thug Mac-Mhethusalah
Sgal mar leomhan gionach,
Tharruing e 'sgian-dubh,
Is sparradair 'na mhionach.

Air an dòigh so fhéin,
Thainig bàs do 'n ghaisgeach,
Dha 'm bu chliu ri 'bheo
'Bhi na dhuine gasda,
Thainig mac na dhéigh,
'Bha pòsd air nighean Noah,
Theab gu 'n thraoigh an dìle
Leis dhe 'n uisg' na dhòl e.

'S bha e air a dheanamh,
'S mise féin 'tha cinnteach,
Nam biodh air tachairt ann
Blasad còir dhe 'n Ileach.
Rainig crìoch mo sgeòil,
Tha mi 'm beachd gur h-ùr i,
Cuir mu 'n cuairt an stòp,
Is marbhaisg air an “duty!”

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.–agus–<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, – – – C B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI – – – C. B

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?
Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 225]

[Vol. 6. No. 29. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B. DI-HAOINE 15 IANUARaidH, 1898. No. 29.

Soirbheachadh agus Malairt Chanada.

Tha 'bhliadhna ùr a nis 'n a suidhe gu socrach, uasal, toilichte anns a' chathair fharsuing, rioghail anns an do shuidh gach bliadhna 'bha 's a dh' fhalbh o'n bha grinn, 'us gealach, 'us talamh ann. Is maith a tha fios aig a' bhliadhna ùr nach meal i ach da mhios dheug, gach ainm, 'us morachd, 'us ughdarras anabarrach a tha dlùth-cheangailte ri roinnean mora na h-aimsir a tha 'glusad gu sgipidh seachad. Thubhairt cheana gach duine 'us bean chairdeil r'an cairdean 'us r'an luchd-eolais, shios 'us shuas, "Bliadhna mhaith ùr duit," agus bho mhile beul 'us teanga thainig am freagradh, "Mar sin duit fein agus moran diu." Tha na briathran so 'ciallachadh ma bha 'bhliadhna 'chaidh seachad lan iomaguin, 'us cruadail do neach air bith, nach eil coire r'a chur air a' bhliadhna 'tha 'nis ann an tus a h-oige; agus nach eil e aon chuid ceart no iomchuidh gu bitheadh na laithean a tha 'nis a lathair a trusadh sprochd 'us dubhachais bho na laithean a tha gu brath ann an tir na di-chuimhne. Is e seoladh ùr, nodha 'tha aig a bhliadhna ùr r'a dheanamh, agus air an aobhar so thig e do gach sgiobair 'us seoladair a chul-thaobh a thionndadh ris gach stoirm, 'us gabhadh, 'us cunnart a bha air an faireachduinn anns a' bhliadhna 'tha tosdach anns an uaigh. Tha 'bhliadhna ùr a' fosgladh a mach gu taitneach, laghach, dochasach ann an Canada. Bha gun teagamh amannan cruaidh againn bho cheann cuig no sia bhliadhnaichean. Tha sinn taingeil gu robh pailteas do dhuine 's do ainmhidh air feadh na dùthcha gu leir re nam bliadhnachan cruaidh a tha 'nis thairis. Is i dùthaich bheartach, aluinn a tha ann an Canada leis gach fuachd, 'us teas, 'us gaoth ard, 'us reotha dìongmhalta air am bheil sinn min-eolach. Tha daonnan ni 's leoir de chruineachd, 'us de choirce, 'us de bhuntàta, 'us de mheasan, 'us de chrodh, 'us de chaoraich againn; agus mar so cha 'n eil, 's cha robh riamh, ocras, no gainne, no gort againn r'a fhulang. Is ann do bhrìgh gu robh margaidhean an t-saoghail agus Bhreatuinn gu sonruichte bochd 'us iosal, a bha amannan co deuchainneach anns an dùthaich so. Is abhaist do dhaoine tuigseach 'us do fheallsaimhean ionnsuichte 'bhi 'rannsachadh nan doighean a tha 'tabhairt amannan dona oirnn, agus a tha 'tabhairt a rithist amannan caoimheil, fabharach duinn. Is e mo bheachd fein nach eil e

comasach luadh a dheanamh air gach aobhar beag 'us mor a tha cur sios pris gach beathaich 'us grainne, 's a cur grabaidh 'us laigse air malairt mor nan <eng>America<gai> mu dheas a' togail 'na fhearann ùr, brioghmhor, torach, uamhas cruineachd, agus a' giulan moran deth aig pris bheag do mhargadh farsuing Bhreatuinn. Bho <eng>America<gai> mu dheas 'us bho Astralia mar an ceudna, tha iomadh luchd bata-smuide a tighinn de 'n fheoil 'us de 'n mhuilt-fheoil a's fhearr. Tha 'n fheoil air a gleadhadh gu fallain, ùr ann an eigh, agus an uair a ruigeas i Breatunn, tha i 'faotainn reic gu h-ealamh. Cha 'n eil sinn toilichte ann an Canada, 'us cha 'n eil aobhar againn a bhi toilichte, gu do dhruid riaghlaidh Bhreatuinn an dorus an aghaidh nam beathaichean reamhar a tha sinn a' cur thar a' chuain do Bhreatunn. Feumaidh gach damh, 'us tarbh, 'us agh, 'us mart a bhi air am marbhadh co luath 's a ruigeas iad port air bith ann am Breatunn. Bha lighichean cruaidh a' cumail a mach gu robh galar basmhor am measg eudail Chanada, agus gu robh eagal mor air feolaidearan 'us buachaillean Bhreatuinn gu tugadh crodh Chanada an galar mosach so do Bhreatunn mar an ceudna. Ged nach robh dearbhadh soilleir air a thabhairt seachad gu robh galar air bith am measg daimh 'us mairt Chanada, chaidh lagh a dheanamh a tha 'cumail a mach gach beathach a thogadh an Canada. Feumaidh sinn umhlachd, gun taing duinn, a thabhairt do 'n reachd chruaidh, chearr ud, mar tha sinne 'creidsinn. Tha gach uidheamachadh, 'us innleachd, 'us seoltachd againn a nis ann an Canada; agus re na bliadhna so, theid againn co math agus co furasda ri dùthaich air bith, air an fheoil a's fhearr a' thabhairt thar a' chuain, gun dragh, gun mhilleadh air bith. Tha malairt a tha 'cinntinn gu luath 'us gu taitneach ann an ìm 'us ann an caise eadar Canada 'us Breatunn. Tha tighean innleachdach airson ìm 'us caise 'dheanamh gu pongail, ullamh air feadh na tire gu leir. B'e latha grianach a dh' eirich air Canada 'nuair a thoisich na tuathanaich an ear 's an iar air ìm 'us caise 'dheanamh ann am pailteas mor. Tha 'n talamh a' fas beartach le ionaltradh nam bo, 's tha crodh na dùthcha 'dol gu luath ann am beothas. Cha 'n eil ni a phaigheas co maith do 'n tuathanaich ri bhi gleidheadh moran de bhà-bainne. Ann an aon bhliadhna cosnaidh aon mhart a pris fein le 'bainne. Tha ainm gasda 's cliuiteach air caise Chanada ann am Breatunn, agus tha ìm Chanada mar an ceudna 'cosnadh cliu mhaith da fein. Tha Breatunn a' paigheadh suim eagallach a h-uile bliadhna airson ìm 'us caise. Carson nach faigheadh sinn ann an Canada cuibhrionn mhor de 'n airgiod so, an trath a theid againn air ìm milis, glan, agus air caise fallain, maith a dheanamh agus a chur ann an doigh churamach, speisealda thar a' chuain fharsuing, luasganach. Tha 'g eiridh suas anns gach cearna de 'r dùthaich, tighean innleachdach airson ìm a dheanamh de 'n uachdar a's fearr. Tha againn cheana tighean gun àireamh airson caise 'dheanamh. Tha na tuathanaich a' gabhail curam mor de na ba anns a' gheamhraidh, agus g' an gleidheadh bho gach stoirm 'us uisge. Tha uibhean, 'us turcaich, 'us ubhlan 'us iomadh ni eile 'fagail ar dùthcha agus a' ruigheachd margaidhean Bhreatuinn. Ann an ìm 's ann an caise fein, bithidh soirbheachadh anabarrach aige a reir gach coslais 'us dochais re na bliadhna 'tha fathast am moch-thrath a cuairt.

CONA.

Na Gaidheil Ghordonach.

Bha 'san ainm 'nuair a thainig sgeul air euchdan nan Gàidheal Ghordonach ann an Dargai, nach bu Ghàidheil no Albannaich a' chuid mhor de 'n réiseamaid idir, ach Sasunnaich agus Eirionnaich. Cha robh sin idir ceart. Bha 758 duine anns an réiseamaid air fad; bu Ghàidheil no Albannaich 615 dhiubh sin; bu Shasunnaich 125; b' Eirionnaich 15; 's bha aon Welshach agus dithis Ghàidheal a mhuinntir Chanada innte. Bu Shasunnaich muinntir a' bhand agus na drumairean, agus 'nuair a bheirear iad sin á measg nan 125 a bh' ann dhiubh air fad, chithear nach robh ach àireamh gle bheag air chùl nan Gàidheil am theasg an luchd-cogaidh. 'Nan robh na Sasunnaich 's na h-Eirionnaich cho lionmhor ris na Gàidheil anns an réiseamaid, 'se 's dòcha nach biodh mullaichean Dhargai air an toirt a mach fhathast!

Bidh litir o "Iain Mac 'Illeasbuig" á <eng>Priceville, Ontario,<gai> anns an ath àireamh mar an ceudna oran, "An gille beag aig Da," o "Ghleann-a-Bhàird," agus ni no dha eile do nach b' urrainn dhuinn àite dheanamh air an t-seachdain so.

[TD 226]

[Vol. 6. No. 29. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. III.

An la-iar-na-mhaireach chuir am portair uime an deise aodaich a b' fherr a bh' aige, agus chaidh e do 'n taigh aig Sindbad, an seoladair. Chuir Sindbad faile 's furain air re mor chaoimheas.

An uair a thainig na h-aoidhean gu leir, chuireadh an dinneir air a' bhord, agus shuidh iad aige fad uine mhath, ag itheadh 's ag ol 's a' comhradh mu thimcheill iomadh ni. An uair a chuir iad crìoch air an dinneir, thuirt Sindbad, agus e 'labhairt ris a chuidheadh gu leir, "A dhaoin' uaisle, ma 's e bhur toil e, eisdibh rium, agus bheir mi dhuibh cunntas air na tubaistean 's air na deuchainnean a thachair dhomh an dara turas a dh' fhalbh mi 'sheoladh. Tha na bheil agam ri innseadh an diugh na's iongantach na na dh'innis mi dhiubh an de. A uair a chual' iad so dh'fhan iad uile 'nan tosd, agus thoisich Sinbad ri innseadh a sgeoil dhaibh mar so:—

Mar a dh'innis mi dhuibh an de, bha 'nam bheachd an uair a thainig mi air ais gu ruige Bagdad, agus saobhreas gu leor agam, gu'n caithinn na bha romhan dhe mo bheatha anns a' bhaile so gu socair, samhach. Ach ann an uine gun bhith fada, dh'fhas mi sgith dhe 'n bheatha shocair, shoghail a bh' agam, agus dhuisc miann laidir ann am intinn gu falbh air luing a reic 's a cheannach mar a rinn mi roimhe.

Cheannaich mi gach seorsa badhair a b' fhearr a shaoilinn a gabhadh reic, agus chaidh mi air bord comhladh ri marsantan eile a bha fo dheadh ainm. An uair a chuir sinn sinn-fhein agus gach ni a bhuineadh dhuinn air curam Dhe, sheol sinn.

Thaghail sinn ann an caochladh eileanan far an do rinn sinn malairt a thug buannachd mhath dhuinn.

Air latha araidh chaidh sinn air tir ann an eilean anns am faca sinn moran de chraobhan air an robh pailteas de mheasan. Ach cha robh duine ri fhaicinn air an eilean agus cha mho a bha choltas gu'n robh creutair beo sam bith riamh ann, saor o eunlaith nan speur. Chaidh sinn air feadh an eilean so, agus bha cuid dhinn a' cruinneachadh dhitheanan, agus bha cuid eile a' cruinneachadh mheasan. Thug sinn uile leinn aran is fion as an luing, a chum gu'n gabhamaid beagan dhiubh mu'n rachamaid air bord feasgar. An aite bhith 'siubhal air feadh an eilean mar a bha cach, is ann a shuidh mi air blianaig bhoidhich a bha eadar da chraoibh, agus ghabh mi na thainig rium dhe 'n aran 's dhe 'n fhion a thug mi leam. 'Na dheigh sin thuit mi 'nam chadal. Cha 'n urrainn mi a radh ciod an uine e bha mi 'nam chadal, ach co dhuibh, an uair a dhuisc mi bha 'n long air falbh, agus ghabh mi iognadh mor. Dh' eirich mi nam sheasamh, agus sheall mi mu 'n cuairt orm, ach cha robh aon dhe na marsantan ri fhaicinn. Mu dheireadh thug mi an aire do'n luing 'si fo lan aodach. Ach bha i cho fada air falbh 's gu'n deachaidh i as an t-sealladh ann an uine ghoirrid.

Faodaidh sibh a thuigsinn gu'n robh mi ann an staid ro mhuladach anns an am. Bha mo chridhe gu bristeadh le bron. Thoisich mi ri glaodhaich gu muladach, agus ri bualadh mo chinn is m' uchd. Thilg mi mi-fhein air an talamh, far an robh mi' n am shineadh car uine, agus mi ann an cradh cridhe a bha eagalach. Bha smaointean an deigh smaointean ag eirigh suas fa chomhair na h-inntinn agam mu thimchioll cho gorach 's a bha mi an uair nach robh mi riarachta leis na chuir mi cruinn de shaoibhreas a' cheud turus a dh' fhalbh mi o 'n taigh. Bha mo chridhe gu bristeadh le aithreachas; ach cha deanadh aithreachas feum anns an am. Mu dheireadh dh' earb mi mi-fhein ri Dia, agus chuir mi romham gu'm bithinn umhail dha.

O nach robh fhios agam ciod a dheanainn, choisich mi suas air feadh an eilean, agus air dhomh craobh mhor fhaicinn shreap mi innte cho ard 's a b' urrainn domh, an dochas gu 'm faicinn long a' dol seachad faisge air tir. Ach cha robh ni ri fhaicinn ach an cuan mor, farsuinn.

Thug mi an aire gu'n robh rud mor, geal air aite comhnard a bha astar fada uam. Smaoinich mi gu'm b' fhearr dhomh a dhol a dh' fhaicinn ciod a bh' ann. Thug mi leam am beagan bidh a bh' agam agus dh' fhalbh mi.

An uair a bha mi 'dluthachadh ris bha mi smaointean gur e soitheach geal, creadha a bha anabarrach mor a bh' ann. Ach an uair a rainig mi e 's a chuir mi mo lamh air, dh' aithnich mi nach e criadh a bh' ann idir. Choisich mi mu 'n cuairt air uair no dha feuch am faicinn

an robh coltas air a bhith fosgailte an aite sam bith. Ach cha robh. Bha, air a' chuid bu lugha, leith cheud ceum agam ri dheanamh mu 'n rachainn timchioll air.

Anns an am bha ghrian a' teannadh ri dhol fodha. Ann an uine ghoirid dh' fhas an iarmailt cho dorcha 's ged bhiodh i air a comhdachadh le tiugh-neoil. Chuir so ioghnadh mor orm; ach is ann a bha 'n t-ioghnadh orm an uair a thuig mi gur e eun anabarrach mor a bha 'g itealaich an rathad a bha mi a dh' aobharaich an dorchadas. Chuimhnich mi gu'n cuala mi maraichean ag radh, gu'n robh eun uamhasach mor ann ris an canar an roc, agus thuirt mi rium fhein gur docha gur e an t-ugh aig an roc an rud mor, geal a bh' air mo bheulaobh.

An uair a bha mi 'a smaointean so thainig an roc agus laidh i air an ugh. Chuir mise mi fhein taobh an uighe an uair a chunnaic mi tighinn i. Thachair dhomh a bhi gle dhluth air an aite anns an do shocraich i a cas an uair a laidh i air an ugh, agus bha a cas cho garbh ri bun craoibhe. Nan do sheas i orm, bha i air mo phronnadh 'n am chraicinn.

Cheangail mi mi-fhein gu teann cruaidh ri a cois leis an aodach-uachdair a bh'orm; oir smaoinich mi gu'n tugadh i air falbh as an eilean mi an uair a dh' eireadh i bhar an uighe 's a mhadainn. Chuir mi seachad an oidhche gun mhoran cadail, ged a bha mi blath gu leor.

Anns a' moch mhadainn dh' eirich an roc bhar an uighe, agus thug i leatha mi gun fhios, gun fhaireachadh dhi fhein. Chaidh i suas cho ard do 'n iarmailt 's nach bu leur dhomh ach gann an talamh. Na dheigh sin thainig i nuas thun na talmhainn le leithid de luaths 's gu'n do chaill mi car tiotaidh mo mhothachadh. Cha bu luaithe a rainig i an talamh na dh' fhuasgail mi mi-fhein uaipe. Agus an ceann tiotaidh thog i leatha nathair uamhasach mor 'na gob, agus dh' fhalbh i.

An uair a a sheall mi mu'n cuairt orm thug mi an aire gu'n robh mi air 'm fhagail ann an gleann anabarrach domhain, agus gu'n robh na creagan a bha mor-thimchioll air cho cas 's nach b' urrainn neach sam bith faighinn as.

Chuir so fo iomacheist mhoir mi; agus an uair a smaoinich mi air a' chuis, thuirt mi rium fhein gu 'n robh e cho math dhomh a bhith anns an eilean fhein ri bith far an robh mi.

An uair a bha mi 'coiseachd troimh 'n ghleann thug mi an aire gu'n robh an talamh lan de dhaoimein, agus gu'n robh cuid diubh anabarrach mor. Bha mi 'gabhail beachd orra ach o nach robh chuis coltach gu'm faighinn as a ghleann gu brath cha robh mi 'faicinn gu'n robh aobhar agam air mo lamh a chur air fear dhiubh.

Cha robh mi fada coiseachd troimh 'n ghleann an uair a chunnaic mi rud a chuir eagal gu leor orm; agus b'e sin, an aireamh mhor de nathraichean a bh' ann. Bha cuid dhiubh co mor 's gu'n sluigeadh iad tarbh gun bhuille chagnaidh. Re an latha bha iad 'g am falach fhein

ann an tuill, ach an uair a thigeadh an oidhche, bha iad a' tighinn am mach as na tuill.

Chuir mi seachd an latha mar a b'fhearr a dh' fhaodainn. Bha mi 'coiseachd air feadh a' ghlinne, agus an drasta 's a rithist bha mi 'leigeadh m' analach anns gach aite bu fhreagarraiche na cheile a thachradh rium. An uair a thainig an oidhche chaidh mi steach do dh' uamhaidh, agus dhuin mi am beul aice le clachan air dhoigh 's nach b' urrainn na nathraichean a dhol a steach. Ach dh' fhag mi tuill fosgailte air an rachadh an solus a steach.

Ghabh mi beagan dhe 'n bhiadh a bh' agam; ach leis an t-sranntaich a bh' air na nathraichean faisge air an uamhaidh, cha leigeadh an t-eagal leam norran cadail a dheanamh.

An uair a thainig an latha chaidh na nathraichean do na tuill, agus thainig mise am mach as an uamhaidh 's mi air chrith leis an eagal. Ged a bha mi coiseachd air na daoimein cha robh de shuim agam dhiubh

[TD 227]

[Vol. 6. No. 29. p. 3]

na thogadh fear dhiubh bhar an lair. Mu dheireadh shuidh mi, agus ged nach robh m' inntinn aig fois, thainig an cadal orm; oir cha do dhuin mo shuil an oidhche roimhe sin.

Ach cha robh mi fada 'nam chadal an uair a dhuig fuaim araidh mi. Ar leam gu 'n do thuit rud trom laimh ruim. Dh' eirich mi 'nam shuidhe, agus an uair a sheall mi mu 'n cuairt orm, ciod a b' iongantach leam na pios mor de dh' fheoil uir 'fhaicinn laimh ruim. Aig a' cheart am chunnaic mi iomadh pios feola eile a' tuiteam a nuas bhar bearradh nan creagan a bha faisge orm.

(Ri leantuinn.)

Mu na Seann Ghaidheil.

LEIS AN URR. D. B. BLAIR, D. D., NACH MAIREANN.

VI.

Thug sinn fainear mar fhuair Coinneach Mac Ailpein an rioghachd Phicteach a chionn gu'm b'e an t-oighre dligheach a thaobh a shean-mhàthair, màthair Ailpein, a bi piuthar Aonghais agus Chusantin a bha le chéile 'n an righribh air na Picti. Thachair an ni so anns a' bhliadhna A. D. 843. Aig an àm so, fo riaghladh Choinnich chaidh an dà rioghachd, agus an dà fhine Ghàidhealach na Picti agus na Scoti, aonadh ri chéile gu bhi 'n an aon sluagh. Tha cuid de sheanachaidhibh ag radh gun do cheannsaich Coinnich na Picti ann an cogadh, agus gun d'thug e an rioghachd a mach le faobhar a' chlaidheimh; ach tha an nì sin mì-choltach agus do chreidsinn gun

deanadh prasgan beag de dh-Earraghaidhealaich buaidh a thoirt air a' chuid eile de na Gàidheil; is ann fhuair e còir air an rioghachd a thaobh a shean-mhàthar mar a fhuair Seumas VI rìgh na h-Alba còir air rioghachd Shasuinn ann an linnibh an déigh sin. Tha ùghdair an Leabhair "Nennius" a sgrìobh mu'n bhliadhna A. D. 858 ag radh mu na Pictich <eng>"tertiam partem Britanniac tenuerunt, et tenent usque nunc."<gai> 'Se sin an Gailig; Bha sealbh aca air treas earrainn Bhreatuinn, agus tha sealbh aca oirre gus a nise." Chaidh so a sgrìobhadh mu chòig bliadhna deug an doigh do Choinneach Mac Ailpein rioghachd nam Picteach fhaotainn, agus tha e soilleir nach deachaidh an sluagh a chasgairt no a dhitheachadh leis na Scoti, ach gun robh iad a' gabhail comhnuidh anns an aon dùthaich cheudna 's an robh iad roimhe, ged a fhuair iad Coinneach Rìgh nan Scoti gu bhi 'na Rìgh os an ceann. Dearbhaidh na Seanachasan Eirionnach a sgrìobhadh mu thimchioll nan amannan so an nì ceudna, oir their iad "Rìgh nam Picteach" mar thiodal ri Coinneach Mac Ailpein, nì a tha 'nochdadh gun robh an sluagh agus an rioghachd a lathair aig an am sin, agus nach deachaidh idir an lom-sgrìos mar a tha cuid a' cumail a mach gu mearachdach. Tha e sgrìobhta ann an Seanachasaibh Mor-roinn Ulladh gun d'fhuair Coinnich Mac Ailpein Rìgh nam Picteach bas mu'n bliadhna A. D. 858, aghs tha Nennius ag radh "Rìgh nam Picteach" ris mar an ceudna. Fhuair e bas aig Dun-fothair ann an Siorramachd Pheairt aon de Chaistealaibh nan seann rìghrean Gaidhealach; agus thainig Domhnull Mac Ailpein gu bhi 'na rìgh an aite a bhràthar, nì a bha a réir an t-seann lagh Albannaich a bha air a chleachdadh am measg nan Gaidheal Picteach. Their e Rìgh nam Picteach ri Domhnull mar an ceudna, oir tha Seanachasan Ulladh ag radh "gun d'fhuair Domhnull Mac Ailpein Rìgh nam Picteach bas" anns a' bhliadhna A. D. 862. Rìghich dithis mhac Choinnich a rithist, Cusantin agus Aodh, fear an deigh fir agus b'e an tiodal a theirteadh rìusan "Rìghrean nam Picteach." A thaobh Chusantin faodar a thoirt fainear, nach robh an t-ainm so riabh air aon de na Scoti agus nach robh e ach air aon de na Rìghribh Picteach roimhe so, se sin air brathair sean mhathar Choinnich; agus uime sin tha e ro chosmhuil gur ann air a shon-san a thug Coinneach an t-ainm air a mhac féin.

Mu'n bhliadhna A. D. 900 thainig Cusantin Mac Aoidh, mhic Dhomhnuill, mhic Ailpein gu bhi 'na Rìgh air na Pictich. Anns a' bhliadhna 918 chuir an Rìgh so air ceann nan Gaidheal cath gailbheach ris na Lochluinnich air an d'fhuair iad buaidh; agus anns a' bhliadhna 937 chuir e cath ris na Sasunnaich; mharbhadh a mhac anns a' chath so. Cha 'n 'eil iomradh sam bith air a dheanamh air na Scoti aig an àm so, oir dh' fhuirich iad 'n an tìr féin ann an Earraghaidheil, agus chuir na Picti 'n an tìr na cathan fuilteach so ris na Lochluinnich agus ris na Sasunnaich; a' dearbhadh mar so gum b' iadsan iarmad nan treunlaoch gaisgeil a chog ris na Romanaich agus ri Agricola aig a' Gharbh-mhonadh, ceudan bliadhna roimhe sin. Fhuair Cusantin bàs ann am mainistear Chill-Rìmhinn agus b'e an tiodal a theirteadh ris "Rìgh Albainn."

Ré na h-ùine so dh'fhuirich na Scoti na'n dùthaich féin; cha d'fhàg iad idir i a cheannsachadh nam Picteach no a gabhail seilbh 'n an àite air am fearann. Dearbhaidh na seanachasan Eireannach so, oir tha iad ag inneadh dhuinn gun do mharbhadh Goraidh Mac Arailt Rìgh

Innse-Gall leis na Scoti 's a' bhliadhna A.D. 989, agus gun d' rinneadh an gnìomh fuilteach so 'n an tìr fein an Earraghàidheal. Thachair so mu thimchioll còrr agus seachd fichead bliadhna an déigh do Choinneach Mac Ailpein rioghachd nam Picteach fhaotainn, agus feuchaidh e dhuinn gu soilleir nach d'fhàg na Scoti Earraghàidheal idir. Ged a chaidh an Rìgh aca do dhùthaich nam Picteach gu bhì 'riaghladh os ceann an dà shluaigh, dh'fhuirich iadsan 'n an tìr fein, mar a dh'fhuirich na h-Albannaich 'n uair a chaidh Seumas VI. do bhaile Lunnainn gu bhì 'na Rìgh air Breatuinn gu h-iomlan. Agus na fineachan Gàidhealach a thàinig a nuas uapasan is ann an Earraghàidheal a gheibhear iad gus an là an diugh, nì a dhearbhas nach d'fhàg an sinnsear an dùthaich féin riabh, oir nam fàgadh, gheibhteadh iad ann an àitibh eile de'n Ghàidhealtachd mar an ceudna. A thuilleadh air so tha Gàilig Earraghàidheil nas faisge air a' Ghailig Eireannaich agus nas mò air a measgadh leatha na Gàilig earrainn sam bith eile dhe Albainn. Tha na h-argumaidean so uile a' dearbhadh nach d' fhag na Scoti an tìr féin, agus nach ann uapasan a dh' ionnsuich a' chuid eile de shluagh na Gàidhealtachd a' Ghàilig, na 's mo na 's ann uapa a shiòlaich iad mar shliochd; ach gur ann a fhuair iad i a thaobh dùthchais mar dhìleab o'n sinnsearaibh a ghabh còmhnuidh an Albainn o chian, leis an robh i air a labhairt ann an tìr nam beann ré nan ceudan bliadhna mu'n d' thàinig na Scoti a nall thar chuan na h-Eirinn.

Mu'n bhliadhna A.D. 1020, timchioll deich bliadhna fichead an déigh bàis Ghoraidh Mhic Araith rìgh Innse-Gall, thàinig sluagh agus dùthaich nam Picteach gu bhì 'faotainn ainme nuaidh, 'se sin Scoti agus Scotia no Scot-fhonn. Bho 'n àm so cha chluinnteadh luaidh tuilleadh air na Picti ann an Eachdraidh na Dùthcha. Chaidh iad as an t-sealladh mar a chaidh na Caledonaich ann an làithibh an Impire Chonstantius Chloruis. B'ann r'a linnsean a fhuair na Caledonaich an t-ainm nuadh "Picti" ainm a lean riutha fad seachd ceud bliadhna; agus a nise air dhoibh an t-ainm so a chall, fhuair iad ainm nuadh eile, Scoti; gidheadh cha robh nì ùr sam bith 'nam measg ach an t-ainm agus an teaghlach rioghail. Chaidh Ainm a'chinnich atharrachadh o'n a dh' atharraicheadh an Teaghlach Rioghail; ach dh' fhuirich an luchd-aitich gun chaochlaidh gun atharrachadh sam bith, ach mar a bha iad roimhe, dìreach mar a dh' fhuirich na Caledonaich o shean 'nuair a fhuair iad o na Seanachaidhibh a bha sgrìobhadh mu'n timchioll anns an Laidinn; cha bhuineadh iad dhoibh a thaobh dùthchais, oir b'e an t-ainm a bha dualach dhoibh o'n sinnsearaibh, na Gaidheil. Chaidh an t-ainm Picti air chall, ach dh'fhuirich an sluagh, ris an abairteadh na Picti, agus a' chanain a bha iad a' labhairt gun atharrachadh mar a bha iad riabh anns an tìr. A chionn gum b' ann de na Scoti a bha na teaghlach rioghail, sgaoil an t-ainm so thairis air an dùthaich gu leir, ionnus nach abairteadh ach Scoti ris an t-sluagh agus Scotia ris an tìr; ach b'e so an t-ainm a theirteadh o shean ri Eirinn 's a luchd-àiteachaidh leis na seanachaidhibh a sgrìobh anns an Laidinn; gidheadh cha d' aidicheadh riabh e leis na Gaidheil, aon chuid an Albainn no an Eirinn, ged a tha e nise air a ghabhail leis mar Gaill mar ainm na tìre agus an t-sluagh, oir their iadsan <eng>Scotland<gai> ri h-Albainn agus <eng>Scots<gai> ris na h-Albannaich. Anns a' bhliadhna A. D. 1158, Sgrìobh Andreas, Easbuig Ghallthaobh, leabhar "Mu shuidheachadh

Albainn," anns am faighear na briathran so, <eng>"Albania quae nunc corrupte Scotia appellatur,"<gai>—se sin 'an Gailig,

(Air a leantuinn air taobh 203.)

[TD 228]

[Vol. 6. No. 29. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 15 IANUARAIDH 1898.

Cha 'n eil cùisean reidh eadar an Spàin agus Cuba fhathast. Tha ceannard ùr airm, Blanco, aig an Spainn air an eilean an dràsda, fear anns an bheil barrachd iochd 's a bh'ann a' Weyler, ach cha'n eil e coltach gu bheil an cogadh seachad fhathast. Tha an Spain a' tairgse tomhas math de fhéin riaghladh do na Cubaich, ach cha 'n eil sin a toirt riarachadh sam bith do na ceannaircich; cha'n eil iad air son an claidheamh a chur air ais d'an truail gns am bi Cuba saor, agus 's i bharrail a th'aig daoine tha toirt moran aire d'an ghnothuch gu'n teid leotha; gu'm faod saorsainn Chuba a bhi fed as, ach gu bheil i tighinn gun teagamh sam bith. B'fhearr gu robh crìoch air a chogadh co-dhiu.

Tha àireamh mhor de luchd-ceairde 'nan tàmh ann am Breatunn o chionn àireamh mhiosan, a' diùltadh obair a dheanamh air son ni-eigin a thainig eadar iad-fhéin 'sam maighstirean. Tha call mor mar sin air a chur air an dùthaich, agus thatar ag radh nach bi a chùis gu buanachd sam bith do 'n luchd-ceairde fhéin. Tha choltas orra nise nach bi fada gus an toir iad suas, 's an teid iad air ais gu 'n obair. Thatar a meas nach bu lugha na coig milleanan deug punnd Sasunnach an call a bha air a chur air an dùthaich le sgur nan

obraichean, gu 'n iomradh air na chaill an luchd-obrach, 's na dh' fhuiling iad fhéin 's an teaghlaichean.

Fhuair sinn litir ghasda o ar caraaid Murchadh Mac Laomuinn, á Springton, an Eilean a Phrionnsa, agus cuirear an clò i anns an ath àireamh. Fhuair sinn mar an ceudna fios o Sheumas A. Mac Ille-mhaoil, as na h-Eileanan Coille, ag radh gu bheil e dol a chur ugainn sgeul air turus-cuain na "Polly," aon de na soithichean a thainig thairis le luchd-imrich o chionn trì fichead bliadhna air ais. Bidh sinn gle thoilichte an sgeul fhaotainn.

Guth a Margaree.

FHIR-DEASACHAIDH GHASDA,—'S fhada bho nach do chuir mi sgrìobag g'ad ionnsuidh, agus o'n nach eil a bheag a dh' obair agam ri chur air adhart an dràsda smaointich mi gu 'n cuirinn facal no dha gu Mac-Talla.

Tha side ghasda againn cho fada so, le gle bheag sneachda, agus ròidean cho math 'sa dh' iarradh duine sam bith. Agus gu dearbh thatar a' gabhail a chothrom sin orra. Tha daoine falbh as an dùthaich 'sa tighinn a h-uile latha dhe 'n bhliadhna; cuid a dol an ear 's cuid an iar. A chuid nach eil a dol a Bhoston, tha iad a dol a Mhaine, 'sa chuid nach eil a dol an sin, tha iad a dól do 'n Chlondaic, agus mar sin sìos.

Leugh mi mu mhart Alasdair agus Dhomhnuill. Ma dh' fhaodte nach do chord an litir ud tuilleadh us math uile gu leir ris an fheadhainn ainmichte, ged nach do dh' aithnich mise nach b'e ceòl bu bhinne b' urrainn a dhol 'nan cluasan. Tha sgrìobhadh na litir air fhagail iomadh neach, agus their cuid gu bheil e gle choltach ri obair Aonghais Bhig; ach cha fhreagair a' bhròg dhomhsa idir; tha i tuilleadh us mor dhomh, mar a dhearbhas Mac-Talla còir agus fhear-deasachaidh. Slan leat an dràsda. Is mi do charaid,

AONGHAS BEAG.
Ian. 10, '98.

Chaidh faisg air ceud gu leth mìle de na h-Iudhaich a dh' fhuireach do Ierusalem o chionn dha no trì bhliadhnaichean, agus thatar a deanamh a mach gu bheil àireamh mhor eile ri dhol ann an bliadhna. Tha ròidean-iaruinn a nise eadar Ierusalem us Domascus agus an fhairge; tha sin a' fosgladh na dùthcha suas, agus 'ga deanamh na 's deiseile agus tha moran dhaoine dhe'n bhàrail nach fhada 'n ùine gus am bi tìr Phalestine air aon de na dùthchannan a's làidire 's a's beairtiche bhios anns an airde 'n ear.

Bho'n ghabh Breatuinn seilbh air an Eipheit, tha a dha uiread cotain 'ga thogail innte gach bliadhna 'sa bhatar a togail roimhe sin. Bha coig ceud millean punnd air a thogail an uiridh.

Tha feill mhor air maighich ann an St. Louis, am Missouri. Aon latha

o chionn ghoirid bha ceithir fichead mìle 'sa deich dhiubh air an creic ann.

Tha mu thrì fichead mìle duine a tigh'nn ri 'm beatha fhéin anns an Roinn Eorpa a h-uile bliadhna.

Tha Comhairle na Siorrachd na suidhe air an t-seachdain so.

BAS.

-Aig a' Bheinn Bhriagh, faisg air Baddeck, air a 5mh latha dhe 'n mhios, Ceit Dhomhnullach, bean ghràdhach Iain A. Mhic Dhiarmaid, ceithir bliadhna fichead a dh' aois. Bha i 'na boirionnach òg air an robh deagh chliu agus fìor mheas aig gach aon a bha eòlach oirre, agus bidh ionndrain mhòr oirre anns a choimhearsnachd.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan, <eng>Rubbers,<gai> no nì sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort? Ma tha ruig

TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile, agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige

neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 229]

[Vol. 6. No. 29. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha na sgoilean air am fosgladh Di-luain; cha 'n fhaigh na sgoilearan an còrr fuasglaidh gu meadhon an t-samhraidh.

Fhuair Fletcher, a bha aig cùirt air son teine chur ri baile Windsor, ma sgaoil. Cha robh dearbhadh sam bith air a thoirt air adhart aig a chùirt gu 'n robh e coireach.

Tha sacramaid na Suipeir ri bhi air a frithealadh ann an eaglais <eng>St. Andrew's<gai> la na Sabaid s'a tighinn. Tha na seirbheisean a tòiseachadh an diugh, latha na Ceiste. Bidh searmon Beurla 's Gàilig ann am màireach.

Chaidh luchd da charbad de choin air adhart do 'n Chlondaic toiseach na seachdain s'a chaidh. Tha iad ag radh gu robh na beothaichean bochd air fìor dhroch caradh, ni nach bu chòir a cheadachadh no leigeil air adhart.

Chaochail Iain Howe, mac bràthar do 'n Onarach Ioseph Howe, ann an <eng>St. John, N. B.,<gai> o chionn ghoirid, 'se ceithir fichead bliadhna 'sa tri a dh' aois. Bha e na phost-mhaighstir ann an <eng>St. John<gai> àireamh mhor bhliadhnaichean.

Chaidh soitheach a bha air a turus á <eng>Portland, Maine,<gai> gu Liverpool, an Sasuinn, a bhristeadh aig Eilean nan Ron, mach o chladach <eng>Shelburne, N. S.,<gai> latha na Bliadhna' Uire. Bha i luchdaichte le crodh us eich, 's chaidh an call uile. Fhuair an sgioba's gach duine bh' air bord as le 'm beatha.

Chaidh fear Uilleam Dooley, seòladair a mhuinntir Newfoundland a mharbhadh ann an Halifax o chionn beagan us seachdain air ais. Chaidh gabhail air cho dona ann an tigh 's an robh e 's gu'n do chaochail e am beagan ùine. Tha triùir dhaoine ri bhi air am feuchainn air son a bhi coireach ri bhàs.

Bhrìst meairlich a stigh do phàirt de thigh na pàrlamaid ann an Ottawa air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha àireamh de bhuinn ro-fhiachail air an goid leotha. Chaidh na buinn a thoirt mar ghibht do 'n riaghladh o chionn cunntas bhliadhnaichean air ais; bha cuid

dhiubh còrr us da mhìle bliadhna dh' aois.

Chaill tuathanach a bha fuireach faisg air Annapolis a bheatha Di-luain le gearradh a rinn e air fhéin. Bha e 'gearradh connaidh anns a choille, agus ghearr e a chas gu dona, Chaidh dotair a thoirt g'a ionnsuidh cho luath 'sa ghabhadh deanamh, ach cha do rinn e feum sam bith dha. Thràigh an duine bochd gu bàs. Bha e da fhichead bliadhna 'sa coig a dh'aois.

Bhrìst sruth làidir uisge a stigh ann am mèinn a bhatar ag obrachadh ann an San Puerta, am Mecsico, o chionn ghoirid, agus bha coig duine deug air fhichead air am bàthadh. Thainig an t-uisg' orra gun rabhadh sam bith, agus cho bras 's nach robh doigh aca air teicheadh. Bha iad air an slugadh suas leis ma 'n gann a bha ùine aca air na h-uidheaman leis an an robh iad ag obair a thilgeadh uatha.

Di-satharna s'a chaidh, chaochail Domhnull Domhnullach, aon de sheann luchd-aiteachaidh a bhaile, an deigh aois ceithir fichead bliadhna ruigheachd. Rugadh e ann an Uidhist, agus thainig e nach dh' an dùthaich so 'nuair a bha e 'na ghill òg. Bha e àireamh mhor bhliadhnaichean ri mullearachd, agus theirteadh am bitheantas "Domhnull Muillear" ris. Bha e 'n deigh sin ri marsantachd, agus lean e air sin gus 'n do bhrìst air a shlàinte beagan bhliadhnaichean air ais. Dh' fhag e triùir mhac agus dithis nigheanan. Bha e air a thiodhlacadh ann an cladh an Uillt Dhuibh Di-màirt.

Tha a mheinn òir a bhatar ag obrachadh ann a Hogamah air a creic ri cuideachd bheairteach á Sasuinn. Tha 'san ainm gu'n d'fhuaireadh ceithir fichead mìle dolair oirre.

Thainig litir as a Chlondaic an la roimhe ag radh gur h-e fear Alasdair Domhnullach a mhuinntir <eng>Leitches Creek,<gai> an duine 's beairtiche tha 'san dùthaich sin, agus gur fhiach e ochd fichead mìlean dolair.

Tha dithis sheann bhoirionnach ann an tigh nam bochd am Baile-Shearlot, E. P. I., a tha 'n deigh ceud bliadhna dh' aois a ruigheachd. Tha te dhiubh, <eng>Miss Murphy,<gai> ceud 'sa deich, agus an te eile, <eng>Miss Cannon,<gai> ceud.

Tha fad math air a dhol ris an latha; tha am feasgar gu math na 's fhaide na bha e, ach cha 'n eil moran sam bith air a dhol ris a' mhaduinn. Ach 's ann a dol na 's fhaide bhitheas iad tuilleadh gu ceann còrr us coig mìosan.

Choisinn an rathad-iaruinn ris an canar an C. P. R. còrr us tri mìlleann us tri cheud mìle dolair (3,300,000) a bharrachd an uiridh air na choisinn e air a' bhòn-uiridh. Tha sin fhéin a' dearbhadh gu robh a bhliadhna 'n uiridh gu math soirbheachail.

Chaidh an t-Oil-thigh Catlaiceach a tha 'n Ottawa 'na theine toiseach na seachdain s'a chaidh, agus rinneadh milleadh mor air.

Gabhaidh e mu dha fhichead mìle dolair an tigh a dheanamh cho math 'sa bha e roimhe, ach bha roinn mhor de dh' airgead cinnteachaidh air.

Bha deagh ròidean sleighe air feadh na dùthcha air an t-seachdain s'a chaidh, ach thug uisgeachan agus blàths na seachdain so gu talamh dubh sinn a rithist. Shil roinn mhath shneachda Dior-daoin, agus ma mhaireas e ni e deagh ròidean. 'Se side anabarrach caochlaideach a th' againn air a gheamhradh so.

Chaidh àireamh dhaoine chur an greim ann an Cuibeic o chionn ghoirid air son a bhi smugladh á <eng>St. Pierre,<gai> agus air dhaibh a bhi air am faotainn ciontach chuireadh càin da cheud dolair am fear orra, agus air chùl sin thugadh sia mìosan prìosain dhaibh. Tha luchd an smuglaidh gle dhraghail ann an Cuibeic, agus tha e ceart gu leòr, 'nuair a gheibhear greim orra, am peanaisteachadh gu trom air son na h-obair mhi-laghail a tha iad a cur air adhart.

Iadsan a Phaigh.

Dùghall Mac Ille-mhaoil, <eng>Priceville, Ont.<gai>
Calum Mac Ille-mhaoil, <eng>Priceville, Ont.<gai>
Dughall Mac Gilleain, <eng>Priceville, Ont.<gai>
D. I. Caimbeul, <eng>Hamilton, Ont.<gai>
Murchadh Mac Rath, <eng>Cornwall, Ont.<gai>
An t-Urr. D. B. Mac Leòid, <eng>Orwell, E. P. I.<gai>
Murchadh Mac Laomuinn, <eng>Springton, E. P. I.<gai>
Domhnall Mac Calamain, <eng>Kinross, E. P. I.<gai>
Tormad Mac Leòid, Steornabhaigh, Que.
An t-Urr. D. Healy, Sedalia, Mo.<gai>
Seumas Gillios, <eng>Gagetown, Mich.<gai>
Murchadh Muireach, <eng>St. Felix, Manitoba.<gai>
Gilleasbuig Mac Neill, <eng>Cape Dauphin.<gai>
Mor Nic-an-Tòisich, <eng>Valley Mills.<gai>
Màiri Nic-a-Bhioceair, <eng>Enon.<gai>
Tormaid Mac Leòid, na Narrows Bheaga.
Domhnall Mac Ille-mhaoil, Melford.
Iain Mac Fhionghain, (Taillear), Sidni.

\$4.00

Domhnall M. Currie, Sidni
Coinneach Mac Rath, Loch Bhlackett.
Seumas M. Mac Leòid, <eng>Port Bevis.<gai>
Coinneamh Mac Ascuill, Cladach a Tuath.

50c

Somhairle Mac Gilleain, <eng>St. Esperit.<gai>
An t-Oilear Domhnall Mac Fhionghain, Dun-Eideann, Alba.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair.35
Orain Iain Luim
.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.
Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 230]

[Vol. 6. No. 29. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 227.)

"Albainn ris an abrar a nise gu mearachdach Scotia. Tha na briathran
so a' dearbhadh gun robh aon de na daoineibh a b' ionnsuichte anns an
rioghachd 'g a mheas 'n a mhearachd truailleidh aig an àm sin a bhi

'ag radh Scoti mar ainm ris an t-sluagh agus Scotia ('se sin <eng>Scotland<gai>) ris an rioghachd d' an goirear Albainn. Agus tha iad a' nochdadh mar an ceudna nach robh esan a' creidsinn aig an àm sin mar ni air an robh coltas gun do cheannsaich na Scoti Earraghaidhealach na Seann Ghaidheil Albannach, oir nam biodh cha b' urrainn e a' chainnt ud a chleachdadh le fìrinn; agus an uair a dh' atharraicheadh ainm na tire agus an t-sluaigh gur h-ann a dh' eirich so bho na righribh ùra a thainig a steach air an tir a bha dhe'n fhine Scuiteich.

Litir o'n Chuairtear.

A CHARAID,—Bha mi 'n dùil sgrìobhadh agad airson na h-àireamh s'a chaidh, ach fhad 'sa bhithinn air an rathad bhiodh m' inntinn air ciamar a gheibhinn as an t-sneachda, agus 'nuair a thiginn gu tigh bhithinn crom, crotach air an stobh, 's na crithean 'gam thogail bhar na cathair. Ghabh mi droch cnatan agus anns a mhaduinn cha b' urrainn dhomh dad a dheanamh a leth obair air casadaich. Tha mi air tilleadh o'n tuath ann an Siorrachd Bhictoria, agus tha mi nis aig Amhuinn Dhennis ann an Siorrachd Inbhirnis. Bha mi cho fada tuath ris an Amhuinn Fhrangach, beagan mhiltean air an taobh so do cheann <eng>Smoky.<gai> Bha mi aig cruinneachadh de Chomuinn na Stuamachd air an Amhuinn a Tuath. Bha comunn toilichte ann de nigheanan us de ghillean. Bhiodh e duilich a thoirt a chreidsinn air daoine bho chionn fhichead bliadhna gu 'm b' urrainn comunn a bhi cho cridheil, sùndach, gun an caraid o shean-an t-uisge-beatha—a bhi air cheann 'san ceann na cuideachd. Am measg rud math eile a thug iad dhuinn sheinn triuir ghillean òga an t-òran a bha sa MHAC-TALLA bho chionn ghoirid, "Tha'n truaigh air an uisge-bheatha." Bha Ghàilig us a bhàrdachd math, us na b' fhearr na sin bha 'n fhirinn ann. 'Se <eng>Diligent<gai> is ainm do 'n <eng>lodge,<gai> agus tha òigridh an àite sin a' dearbhadh gu bheil an t-ainm freagarrach.

Chuir mi oidhche thoilichte seachad comhla ri Ian Moireastan na thigh fhéin 'sa Ghut a Deas. Thug e dhomh roinn mhath do eachdraidh <eng>St. Ann's.<gai> Ann a marsantachd, iasgach, agus togail shoithichean, bha 'n t-àite so 's na bliadhnaichean a dh' fhalbh air thoiseach air àite sam bith eile an an Ceap Breatunn. Aig Rudha nan Rothach bha ri fhaicinn comhladh anns an acarsaid tri scunairean agus long a chaidh a thogail le Mr. Rothach. Cha robh an sin ach beagan de na chaidh a thogail anns an àite. Tha e ri thuigsinn nach robh iad riaraichte á <eng>St. Ann's.<gai> 'S ann a dh' fhalbh iad a dh' iarraidhi dùthaich a b' fhearr; dh' fhalbh luchd àireamh longan do <eng>New Zealand.<gai> Nam measg so bha na Rothaich, 's mur eil mi meallta 'nam bharrail, tha fear dhiubh, ann an Gàilig fhallain, a toirt naigheachdan do 'n MHAC-TALLA. Tha sinn a cluinntinn, agns tha e furasda chreidsinn, gu bheil iad a' faotainn air adhart gu maith an sin. 'S bochd gu 'm bi chuid a's fhearr de dhaoine Cheap Breatunn 'gar fàgail airson dùthaichean céin; b'e call <eng>St. Ann's<gai> buannachd <eng>New Zealand.<gai>

Cha robh an t-iasgach gle mhath a tuath am bliadhna, agus cha robh ach pris bhochd air a bheagan a fhuair iad. Ach ged nach d' thug a

mhuir moran bhuaipe, thug an talamh a mach toradh trom air feadh an eilein air fad. Tuathanaich a b' àbhaist bho chionn àireamh bhliadhnaichean a bhi ceannach fiar Chanada, tha 'm bliadhna gu leòr aca, 's ri sheachnadh. Tha iad a' cur an fheòir na charloads air falbh á Amhuinn Dhennis gu Sidni.

Mun àm so 'n bhliadhna cha 'n eil fear ceaird ann a's mo air bheil a dh' fheill na am bùidsear; a bhliadhna bhios am buntàta pailt faodaidh gach ainmhidh reamhar a bhi cinnteach gu 'm bi fhuil air a dòrtadh, ach mu 'n tachair so is gle thrì gu 'm bi beagan de chogadh eadar iad fhéin 's na bùidsearan. Thachair so do choimhearsnach dhomh bho chionn ghoirid, agus mur toir thusa guth air innsidh mi mar thachair dhaibh. Bha damh aig Lachuinn a bha e airson a chur 'sa bharailte. Bha coimhearsnach aige aig an robh ainm a bhi 'na dheadh bhùidsear. Cha rachadh tàmh air fhéin ach ag innse an àireamh bheag mhionaidean a thug e marbhadh a leithid so de bheathach do leithid so de dhuine. Bho chat gu càmhail, cha robh beathach gu seasamh fada do Eoghann. Gus obair ghoirid a dheanamh de 'n damh 'se bhiodh ann gheibheadh Lachuinn e. Cha 'n eil fios aig duine ciamar a thòisich an t-sabaid. A chiad fhaireachdain a bh' aig na daoine mu 'n cuairt 'se 'n garbh dhùsgadh le eigheach dh' an robh a choille 's na beanntan a freagairt. Cha chluinnteach 'n sin ach daoine ag eigheach àird an cinn: "Till e! Coinnich e! Cum e! Buail e! Cum fodh' e! Gabh dha! Eirich air!" Thug so gach duine a bha m'a mhile dh' astar mu 'n cuairt orra dh' fhaicinn gu de bha cearr, 'nuair a chunnaic iad rud a chuir mor iognadh orra: Lachuinn, 'san damh 'sam bùidsear, an triùir a sàs 'na chéile, 'sa ruith air feadh na pàirce. Uair a bhiodh a' chuid a b'fhèarr aig an damh agus uair nach bitheadh. Ach mu dheireadh thall, thuit e aig tigh fear de na coimhearsnaich, agus 'nuair leig Eoghan us Lachainn an anail, dh' eirich iad air a mharbhadh. A mach bho 'n la sin sguir spadaireach a bhùidsear, agus ma thòisicheas e rithist air, cha 'n eil ach fhaighneach dheth, "Gu de 'n ùine thug thu a' marbhadh damh Lachuinn." Bheir Màiri dhut a chuid sin dhe 'n t-sabaid a thachair fhad 'sa bha iad am fradharc an taighe. Is mi do charaid,

AN CUAIRTEAR.

An Ceol bu Bhinne Chuala Sasunnach Riabh.

ORAIÐ A BHA AIR A LIUBHAIRT LE DUGHALL IAN CAIMBEUL, AIG CRUINNEACHADH CLANN NAN GAIDHEAL ANN AM BAILE-MOR HAMILTON, AIR AN DARNA LATHA FICHEAD DO MHIOS A GHEAMHRAIDH, ANNS A BHLIADHNA OCHD CEUD DEUG SEACHD DEUG AGUS CEITHIR FICHEAD (1897).

A Chinnsuidhe, a Mhnathan agus a Dhaoin-uaisle:—

'Se an steidh a tha mi a gabhail airson am beagan bhriathran a labhras mi ruibh a nochd, gur e ceol na Pioba-mora on ceol bu bhinne a chuala Sasunnach riabh.

Rachadh agam air iomadh samhladh a thoirt dhuibh a dhearbhadh na firinn so, ach an drasd ni aon eiseamplair feum. Tionndaidhibh air

ais 'nur n-inntinn duilleagan na h-aimsir fad da fhichead bliadhna ro'n am a tha lathair, agus beachdaichibh leamsa air gaisge nan saighdearan Breatunnach a bha 'dion bhaile agus daingneach Lucknow. Bha iad air am cuartachadh 's air an dunadh a stigh le miltean do shaighdearan dubha na duthcha sin; a deanamh an dichill airson an glacadh, agus gach seorsa peanas a bu sgreamhaile na cheile a dheanamh orra, 's air a cheann ma dheireadh ga'm mort le gach seorsa bas a b'uamhasaiche na cheile a chuireadh an t-aibhistear na'n ceann. Cha deanadh ach righneachd an t-Sasunnaich, neo-stroichdadh an Eirionnaich, duine lachd ghaisgeil a Ghaidheal nach deach riamh a cheannsachadh, seasamh an aghaidh an fheachd fhuiltich so a bha air boile airson fuil a bhuidheann bheag a bha dhuinte suas 's a bhaile. Us ghnothach a bu mhiosa na'n cor don bhuidhean bheag Bhreatunnach so, gu robh gach biadh agus uidheam gunnaireachd air bheul teirigsinn, ach ged a bha iad air an lagachadh le tinneas agus acras, cha strìochdadh iad. Bha iad an dochas an aghaidh dochais. Bha iad ann an teanntachd eaglach agus chruaidh.

Bha Seònaid Bhrun, caileag Ghaidhealach 's i briste sìos le acras, 's i ann a fiabhras ard, a dh'fhag a claisneachd geur thar tomhais, na laidhe gu neo-shocrach air breacan sgaoilte air a ghrund theth, 's a freasdal 's a faire oirre bha bean-usal an oifigeach Shasunnaich. Chual i srannraich mar gu'm bidh e fad air falbh. Leum i air a cois, 's i air boile le breislich, 's ghlaoidh i a mach,—“A bheil sibh ga cluinntinn? Nach eil sibh ga cluinntinn? An fhuaim ud fad air falbh. Ah! 's math a tha mi ga tuigsinn-caismeachd-shiubhal Chloinn Ghrigair a th'ann, 's i as briagha dhiu air fad.”

Seonaid bhoichd. Shaoil a bana-charaid dhileas nach robh ann ach roimh rabhadh a bhais, 's ann am beagan uairean, gu'n caidileadh i an cadal nach gabh dusgadh. Fhuair a bhean usal Seonaid a chiuineachadh, us leag i a ceann fiabhrasach air a h-uchd. Na saighdearan gaisgeil, fearail, a chunnaig iomadh sealladh don t-seorsa so, tharruinn iad osunn 's thubhairt iad,” Seonaid bhoichd,

[TD 231]

[Vol. 6. No. 29. p. 7]

cha'n urrainn dhi mairsinn fada a nis” Ach gu grad, le neart agus lugh mar gu'm b'ann air urachadh, fhuair i ma-sgaoil bho na gairdeanan gaoil a bha mu'n cuairt agus a rithist ghlaoidh i mach, “Nach eil sibh ga cluinntinn? 'S i a phiob-mhor a th'ann. Nach eil sibh ga cluinntinn? 'S e caismeachd shiubhal nan Caimbeulach a th'ann a nis. 'Tha na Caimbeulach a tighinn, a tighinn'. Nach eil sibh ga cluinntinn?” Seonaid boichd; bha truacantas iomadh gaisgeach air a chuir an geill leis na deoir shamhach a bha a sruthadh bho an suilean.

Ma dheireadh, chual an coirneal fuaim ard allaidh na pioba a tighinn, soillear a's cruaidh thar gach fuaim eagalach a bha mu'n cuairt orra.

Fhuair e a mach gu robh Seonaid ceart. Dhi-chuimhnich e gach ni bhuineadh dha mar cheannard airm, us ghlaodh e le guth ard r'a shaighdearan agus ris na bha mu'n cuairt air, a bha air an claoidh a mach le tinneas agus acras. "Tha Seonaid ceart! Tha na Caimbeulaich a tighinn. Tha sinn air ar sabhaladh! Tha sinn air ar sabhaladh!" 'S gu aon-intinneach thuit iad air an gluinean, 's chuir an coirneal a suas urnaigh mholaidh agus thaingeachd do Dhia, a rinn an teasruiginn as a chruaidh chas anns a robh iad, agus mu'n d'eirich iad bho an gluinean, dh'aidich an ceannard Sasunnach, gu'm b'e sud ceol a bu bhinne, 's a bu mhilse, 's a bu briagha a chual e riabh.

A PHIÒB-MHOR SA BHLAR.

Anns na blair-chath a bu chruaidhe a chaidh a chur le saighdearan Breatunnach, choisinn a phiob 's na piobairean cliu agus onair dhaibh fein, agus don duthaich d'am buineadh iad. Tha na coisirean-prais aig na Sasunnaich, 's aig na Eirionnach, tha, agus aig na Gaidheil a dol gu oir a bhlar-chath, a chum misneach a thoirt d'an companaich. Cha'n ann mar sin do na piobairean. Tha iadsan daonnan air ceann na cuideachd, 's a dol air thoiseach orra do'n bhlar le am pioban a cluich ceol ard allaidh na'n Ard-bheann, 's gu tric a cuir uamhas air an naimhdean nach eil eolach orra; ach a togail misneach luchd a bhreacain 's an fheilidh, 's iad a bruchdadh air aghaidh gu buaidh, gus a robh an dleasnas do chrun Bhreatunn ga'n gairm. Bheir mi dhuibh dearbhadh air a so, thachair bho chionn gle bheagan uine, a leigeas fhaicinn gu soilleir sgairt agus gaisge nan saighdearan Gaidhealach le am piobairean air an ceann. Sgairt agus gaisge a theid fhuaimeachadh agus thairis a sios troimh laithean agus bhliadhnaichean na linntean a tha ri teachd. 'S ann a toirt a mach mullaichean Dhargai, ann an taobh tuath Innsean na h-airde an ear, agus cur na ruaig air a bhuidheann lionmhor a bha gleidheadh an aite laidir so. Dh'fheuch ceithir reisimeidean eile ris an aite thoirt a mach. "Feumaidh sinn na mullaichean ud a ghlacadh." Bha comhnard aca ri dhol thairis, mu'n faigheadh iad thun bun na'n creagan air an robh na naimhdean, 's iad a frasadh pheilearan a nuas mar fhras de chlachan-meallain, 's gun a bheag dh'aitean dion ann; ach le an coirneal air an ceann, 's am piobaire air thoiseach orra. Thug an coirneal dhaibh facal na h-aithne—"Chlanna nan Gaidheal, ri guaillibh a cheile" Bhruich iad air an aghaidh. 'S e Domhnull MacErais, * le a phiob a cheud duine do'n reisimeid a chuir a chas an taobh a stigh do'n chomhnard uamhasach so; 's e a cluich port-mearsaidh iollagach. Cha deach e ach gle bheag astair air aghaidh nuair a chaidh peilear roimh a dha chois. Tha e am bheachd gu'n do rinn a t-Innseanach dubh mearachd, nuair nach do chuir e am peilear roimh mhala na piob, an aite roimh chasan a phiobaire. Ach 's beag a bha dh'fhios aige gu de an stuth air an robh Domhnull air a dheanamh; oir an aite laidhe far an do thuit e, fhuair e doigh air suidhe a suas, agus le a dhruim an taice cloiche, chluich e air aghaidh na b'airde 's na bu chruaidhe na rinn e roimhe, mar so a cumail a suas misneach, spiorad, agus beothalachd a chompanaich a bha a streap a suas 's a glacail mullaichean creagach Dhargai. 'N uair a a bha an t-aite laidir so air a thoirt a mach, 's a ghraisg a bha ga dhion air an sguabadh air falbh mar mholl leis a goath, 's an

uair a chaidh ard iollach na buaidh-chaitheam a thogail le luchd nam boireid 's nam breacan thionndaidh Domhnull a phoirt 's chluich e, "'S i mo chas chrubach chum air dheireadh mi." Leig a sin a phiob lamh ris. 'S ann a sinn, 's cha b'ann gus a sin, a thionndaidh Domhnull MacErais bochd aire air a chasan, a bha air an eibinneachadh gu h-olc, 's air dha sealtainn orra, bhris e a mach ann an eisdeachd na bha mu'n cuairt le, "A Dhia cuidich mi, a bhalachaibh bi'dh mi crubach crubach cho fad 's as beo mi." Domhnull bochd, is math a choisinn, 's as airidh e fein, 's na chaidh do'n iomairt leis 's a thainig beo as, airson euchdan an latha ud, air an duais a's airde dreuchh anns an arm Bhreatunnach; agus tha coir dhligheach aca air gach urram agus cliu, bho gach duine aig a bheil gradh da dhuthaich; 's aig a bheil meas air daoine da'n aithne an dleasnas da'm Ban-Righ 's da crun aig an am air a thoirt gu crich. Gu ma fada beo Domhnull MacErais 's gu ma fada a theid aige air piob a chur air ghleus.

* 'Se mearachd a tha 'n so; 'se Findlater a b'ainm do'n phiobaire.

Tha cuid de na seann eòlaich a chuir cùl ri MAC-TALLA a tigh'nn air ais. Fhuair sinn o chionn seachdain fios o dhithis no triùir a bha 'gabhail a phaipeir roimhe ach a sguir dheth, agus a tha nise air son toiseachadh a rithist. 'Nuair a gheobh duine blas air rud math, bidh e doirbh dha deanamh as aonais. Dh' aidich aon fhear gu robh a choguis 'ga dhiteadh riamh o'n sguir e ghabhail a phaipeir. Bha fhios aige nach robh e deanamh ceart.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY, Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 232]

[Vol. 6. No. 29. p. 8]

Mharbh-rann do 'n Urramach Padruig Mac Illeadhain.

LE RUARI MOIRASTAN.

[Bha 'n duine uasal Urramach so na fhear teagaisg ro mheasail agus ainmeil 's gach aite anns an robh e. Rugadh e ann an eilean Leoghais; bha e uair na mhinistir ann an sgìreachd Hogamah an Ceap Breatuinn, as a' sin chaidh e air ais do dh' Alba, agus bha e rè uine na mhinisteir na h-eaglais Saoir ann 'n Steornabhagh, far an do bhasaich e air mìos dheireannach an Earraich, 1868.]

Cha 'n urra' mi, cha 'n aithne dhomh,
Do chliu gu ceart a luaidh,
Ann am braithraibh comhnard falainn,
A bhiodh airidh air do chuairt;
Ach se do chliù gu h-araidh,
Anns gach ait' gu'n tug thu buaidh,
'S tha thu nise sabhailte,
Aig gairdean deas an Uain.

Cha bu gheug gun toradh thu,
Ach maiseach a measg chaich,
Suidhichte anns an fhionan,
Nach do chaill a riamh a bhlàth;
Ghlanadh mar an t-airgiod thu,
'S mar an t-òr 'as deirge gnath,
'S bu shoitheach glan lan eifeachd thu,

Le sgeimh an tì tha 'n aird.

Bha iorasalachd 'us gradh,
A tighinn 'n airde ruit 's gach ceum,
Bha do phearsa maiseach aluinn,
'S buaidh do nadair bha da reir,
'S do chliù bidh aig na braithrean,
Anns an fhasach 's fad' an reis,
Oir chaill iad nise Faidhe,
A bha gradhach ac' gu leir.

Cha 'n 'eil thu nise ga d' sharachadh,
'Sa phaileann so air chuairt,
Cha bhi trioblaid inntinn ort,
'S cha bhi thu tinn car uair,
Chaidh thu suas le òrdhearcas,
'S dh'fhalbh na deoir o d' ghruaidh;
A Dhia nan gràs gun deonaich dhuinn
Bhi comhla riutsa shuas.

Feumaidh sinne a chairdean,
Tighinn a lathair 'Bhritheamh mhoir,
Chi sinn an sin Padruig,
Measg an aireamh chaidh thoirt beo;
'S cuiridh e' sa a sheula,
Ris a bhinn theid eigheach cruaidh,
Na 'n aghaidh-san a dhitear,
Leis an fhirinn bha e luaidh.

Guidheam air mo chairdean,
A dh'eisd Padruig air a chuairt,
Gu 'm pilleadh sibh gu 'r Slanaighear,
Mu 'n tig am bàs gu luath;
Mu 'n toir e sìos do dhoruinn sibh,
Gu staid eu-dochais bhùan,
Mu'n dùinear dorus trocair oirbh,
O thigibh beò gu luath.

Tuireadh Seann Fhleasgach.

LE BARD NA LEADAIG.

SEISD.

Tionndaidh nis is eisd,
Tionndaidh, tionndaidh, 's gabh gu feum,
'S na dean-sa mar a rinn mi fein,
Thoir te a measg na'n cailleagan.

'S tha mise 'n so an diugh leam fhein,
Gun agam ni a ni dhomh feum;
Gun mhart, gun each, gun bheathach spreidh,
Gun chearc, gun gheadh, gun tunnagan.

'Sa 'nuair a bha mi a'm ghill' og,
Bha caoraich agam 's crodh gu leor;
Co theireadh rium an sin ri'm bheo,
Gu'm faicinn la cho uireasbhuidheach.

Mo mhallachd aig an fhear gu brath
Nach tagh a bhean 'nuair bhios e traight',
Gun fheithidh gus an tig an lan
No bithidh e buithte le cunnartan.

'S beag a shaoil mi 'n laithean m'oig,
Gu'm bithinn-se gun neart gun treoir;
Gun bhean, gun mhac, gun neach am choir
A bheireadh dhomhsa comh-fhurtachd.

'Sa bhothan bhochd 'an so leam fhein,
Am dhragh do chach, 's mi fein gun fheum;
Gach la a dol n's dluithe do'n eug,
'S gun neach n'am dheigh le 'n duilich mi.

Is 'Illean caoinichibh am feur,
Am feadh 's a bhitheas a ghrian a' dears',
Oir thig an aois an uine ghearr,
'S b'fhearr leibh gun robh bean agaibh.

Cha'n ioghna' ciod a dheireadh domhs',
'S an car a thoirt a te le m' dheoin;
Oir dh'fhag mi nighean steidheil choir,
An toir air storas amaideach.

Chaill mi 'n storas, chaill mi 'n treud,
Cha d'fhuair mi 'n te bha mi ad deigh;
'S an te a gheibhinn 's thug dhomh speis,
Thug mi le eacoir car aiste.

Tha ise 'n diugh co math 'sa miann,
Tha aice fear is iomadh ceud;
Tha mise 'n so 'nam bhodach liath,
Thug iomadh bliadhna fo airsneal.

Is dh'innis mise nis mar bha,
'So gabhaibh rabhadh uamsa trà;
'S ma's toigh leat te, thoir dhi do lamh,
Is gu brath na bi na d' Bhaitchelear.

Caithream Do Righ Tearlach II.

(O' BHEURLA AN RIDIRE SCOTT).

FONN.—“Dean cadal gu samhach, a chuilean 's a ruin.”

Nall a' chuach—còrn nam buadh,

Lian a suas i déur-lan;
Slàin' an Rìgh a's ro-ionmhuinn,
'S a luchd-leanmhuinn 's gach àit',
Air ur bonnaibh, a ghaisgeach'-
Air ur n-ais sibh, a ghraisg!
Ged robh 'm bàs anns an smearsadh-
Slàinte Thèarlaich-a-Dhà!

Tha e 'n cunnart 's air fògradh,
'S e gun chomhnadh, 's fo thuinn;
Ged is coigrich a's ùidh dha,
Fad bho 'dhùthchas gun suim;
Dh' aindeoin teanntachd us chìsean-
Ged 's fos n-ìseal ri 'ràdh-
Siod air onair 's air dillseachd
Slàint an Rìgh, fear mo gràidh!

Biodh gach urram iar 'ìocadh
Mar a dhìolas an t-àm;
Air an làr biodh an glùn,
Air lainn, le dùrachd, an làmh;
'S thig mu'n cuairt an là sùgach,
An còisir Dhiùc, Iarla 's Shàr,
An seinn an trompaid stèarsadh;
Slàint Thèarlaich-a Dhà.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,

Tailliar.

SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir

tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 233]

[Vol. 6. No. 30. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B. DI-HAOINE, 21 IANUARaidH. 1898. No. 30.

Oganach Donn na Bainnse.

SEISD.

Ho-ró ho-ró, gu'n togainn ort fonn,
Gu'n seinninn, gu'n seinninn le ceileir neo-throm,
Cha cheil mi dad idir, tha stigh ann am chom
Air òganach donn na bainnse.

Gur bòidheach an duine tha 'n Uilleam nam fiadh,
A dhìreas am monadh le ghunna fo dhion,
Le ghloinneachan soilleir m'a choinneamh mar 'mhiann,
S gu 'm faiceadh e crìoch na Fraing leò.

Ma phòsas tu Lìsi nam miog-shùilean caoin,
Gur mor do thoil-inntinn gu cinnteach 'san t-saoghal,
Ni bòidhche na ribhinn do lionaidh le gaol
'S gu'n cuir e gach gaoid air chall ort.

Tha daoine na 'n cabhaig cur taighe dhuit suas,
Le Seòmraichean geala 'sam tionail an sluagh,
Cha bhi ceann deth fo éis le gainne a' ghuail,
'S cha bhi sibh air fuachd 's a' gheamhradh.

Soirbheachadh agus Malairt Chanada.

Tha sinn cinnteach gu bheil Canada 'dol a dh' fhaotainn cuibhrionn
mhoir de 'n airgid tha na Breatunnaich a' paigheadh gach bliadhna

ris na Lochlunnaich airson an ìm ghasda, ùr, mhilis a tha iad a' cur a nuas bho 'n dùthaich fhuar a tha air taobh mu thuath na Roinn-Eòrpa. Feumaidh iadsan a tha 'deanamh an ìm ann an Canada, 'bhi fuasach glan, curamach, speisalda, agus air an doigh so cha 'n eil teagamh air bith gu faigh an t-ìm aca aite measail ann am Breatunn. Tha aig na bàtaichean-smuide 'tha ag imeachd gu dichìollach, cumanta, foirmeil eadar Canada 'us Breatunn gach innleachd nuadh, gasda airson ìm, 'us caise, 'us feola 'ghiulan gu urail, tearuinte, blasda anns an eigh. Faodaidh gach duine an ear 's an iar ann an Canada 'bhi cinnteach a nis, gu bheil comas againn air gach ìm, 'us cais, 'us cruineachd, 'us feol a thabhairt thar a' chuain ann an uine ghearr agus ann an staid ghasda, urail, bhoidheach, mhilis. Bithidh againn ann an uine ghoirid, a reir gach coslais, bàtaichean-smuide tapaidh, deifireach a ghiulaineas malairt Chanada gu sgìpidh do mhargaidhean na Roinn-Eòrpa. Aig toiseach na bliadhna ùir mata, tha aobhar againn a bhi dochasach 'us misneachail, gu bheil amannan a's fear na bha againn bho cheann ìomadh bliadhna, 'dol o bhi againn a nis. Gun teagamh tha feum mor aig ìomadh duine dichìollach, easguidh, deanadach air amannan maith agus air duais a's fearr agus a's modha airson gach saothair a tha e deanamh. Tha doilgheas orm a bhi faicinn gu bheil na slochdan guail a tha shìos ri taobh na fairge car samhach aig an àm so. Shaoilinn fein gu bitheadh aca daonnan moran obair, agus gu bitheadh feum aca air àireamh mhor dhaoine airson an gual a dheasachadh. Tha muillnean cotain, 'us olainn, 'us paipeir anns a' bhaile anns am bheil mise 'tuineachadh, agus is gle thrìc 'tha mi 'faicinn guail annta a thainig bho Shidni agus mar so bho shlochdan guail an Rois Bhreatunnaich, no bho Cheap Breatunn. Is e gual bog a tha ri fhaotainn ann an Nobha Scotia. Tha feum aig na Stàitean air moran de 'n ghual so. Is muldach, mata, nach eil margadh gu fada 's fhearr anns na Stàitean aig an àm so airson a' ghuaile tha ann am pailteas anabarrach anns gach cearna de Nobha Scotia. Ann an Cuebec agus ann an Ontario tha moran de ghual cruaidh air a thabhairt bho Phennsilbhania. Is ann air an doigh so le gual cruaidh a tha tighean gu bitheanta air an teasachadh ann am bailtean mora 's beaga Ontario 's Cuebeic. Tha oraidean arda, fuaimneach 'us foghlumte air an liubhairt ann an Canada 'nis mu dheibhinn malairt shaoir. Tha iadsan a tha riaghladh na dùthcha aig an àm so, le guth ard ag radh gur e malairt shaoir am beannachadh a's modha 's urrainn do Chanada 'shealbhachadh anns gach ni 'tha aice ri dheanamh ri rioghachdan an t-saoghail gu leir. Is e gu tric piobairean an aona phuirt a tha anns an luchd-riaghlaidh aig am bheil guth ard, buaireasach as leth malairt shaoir eadar na rioghachdan. Gun teagamh is e gnothuch gasda, ciatach a tha ann am malairt shaor, nan tugadh rioghachdan eile malairt shaor seachad. Tha na Stàidean 'n an coimhearsnaich againne bho aon chuan gu cuan eile thairis air astar fada, fada. Thog iad balla airson malairt Chanada 'chumail gu buileach a mach mur paigheadh sinn cis eagallach airson ar malairt a thabhairt a stigh do na Stàidean. Tha 'm balla so air fas a nis co ard 'us co carrach 's nach leum na feidh fein thairis air. C'aite am bheil an gliocas no an toinìs ann a bhi iarrtuiseach air gach caoimhneas 'us faoilidheachd a nochdadh do na Stàidean am feadh a tha iadsan gu feineil, ladarna, toileach gach ni a's urrainn iad fhaotainn a nasgaidh uainne, ged is e 'n run suidhichte daighneach eagalach a thogail suas a dhion gach ni, 'us

obair; 'us innleachd a bhuineas doibh fein no a's urrainn doibh fein a ghleusadh agus a dheanamh, agus a chur ann an ordugh bhagrach, fharumach. Tuigidh am balachan a's oige 'tha 'leughadh MHIC-TALLA gu feud gach duine 's dùthaich airgid fhaotainn no 'chosnadh le meadhon an iomchuidh, ceart, a chum 's gu bi e comasach slighe onorach a leantuinn agus a chuid fein a phaigheadh agus a thabhairt do gach neach. An uair ann an 1867, a chaidh roinnean Chanada a thogail gus an inbhe urramach a tha iad a nis a' sealbhachadh ann an rioghachd agus bho ughdarras Chanada; ghabh Canada air a gairdeanan leathunn, reachdmhor, laidir, uadach a's fiachan nan roinnean uile. Chost Canada moran airgid cheana ann an oibrean mora, feumail an sud agus an so, ann an sruth chlaisean domhain, gasda, agus ann an rathaidean-iaruinn fada, feumail a dheanamh no a chuideachadh, maille ris an rathaid a tha 'nis a nasgadh Chanada gu h-iomlan bho aon chuan farsuing, luasganach, gu cuan leathunn, sàmhach eile. Tha mar so, riadh trom aig Canada r'a phaigheadh a h-uile bliadhna airson nam fiachan mora a tha oirre air sgath nan oibrean foghainteach a rinn i airson an dùthaich fhosgladh suas agus a h-ionmhasan a thabhairt gu solus an t-saoghail.

Tha ceangal dluth, laidir, gradhach, gu nadurra 'n nasgadh Bhreatuinn agus Chanada r'a cheile. Ged tha sinn astar fada bho Bhreatunn, is e smior nam Breatunnach a tha annainn, agus bithidh sinn gu brath dileas do 'n mhathair urramaich, bhaigheil bho 'n tainig sinn. Tha 'n latha 'tighinn agus cha 'n eil e fad air thoiseach oirnn, anns an tabhair Breatunn o aoidheachd 'us cothrom 'na malairt 'us 'na margaidhean, duinne ann an Canada 's d'a cloinn anns gach cearna de 'n t-saoghal, nach tabhair i do dhùthaich no do dhaoine air bith eile. Co nach aidich gu bheil sinn airidh air a chaoimhneas so agus air gach aoidheachd eile 's urrainn do Bhreatuinn a nochdadh duinn?

CONA.

Tha sinn air litir fhaotainn o rùnair a Chomuinn Ghàidhealaich a tha ann an <eng>Southland,<gai> an <eng>New Zealand,<gai> 'se cur a dh'iarraidh MHIC-TALLA air son a Chomunn. 'Se so an Comunn a's fhaide deas a th' air an t-saoghal, agus 'se a' cheud "Chomunn" a chuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA. Tha iomadh Comunn Gàidhealach agus Gàilig ann am Breatuinn, an Canada, 's anns na Stàitean ach cha do chuir aon diubh riamh a dh' iarraidh a' phaipeir Ghàilig! Am bheil e ceart dhaibh a bhi cho dearmadach sin air cainnt an dùthcha?

[TD 234]

[Vol. 6. No. 30. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. IV.

Fada roimhe sid chuala mi maraichean ag innseadh naigheachdan mu ghleann nan daoimean, agus mu na h-innleachdan a bha na marsantan a' cleachdadh gus na daoimein a thoirt as. Ged nach robh mi 'creidsinn nan naigheachdan aig an am, gidheadh tha mi nis 'g an lan chreidsinn.

Tha na h-iolairean a' breith air bearradh nan creagan a tha air gach taobh dhe'n ghleann, agus anns an àm am bi na h-eoin aca, tha na marsantan a' tilgeadh spoltan de dh' fheoil uir sios bhar bearradh nan creag do'n ghleann. An uair a thuiteas an fheoil air na daoimein, tha moran dhiubh a' stad innte, agus an uair a tha na h-iolairean a toirt leatha na feola bhar urlar a' ghlinne do na neadan gus an cuid alaich a bheathachadh tha na marsantan 'gam fuadachadh air falbh gus an toir iad na daoimein as an fheoil. Tha iad a' deanamh moran soibhreis air an doigh so.

Ged a bha mi 'n duil nach fhaighinn as a' ghleann gu brath, thuig mi, an uair a chunnaic mi na spoltan feola air an giulan air falbh leis na h-iolairean, gur docha gu'n rachadh agam air faighinn as.

Thoisich mi ri cruinneachadh nan daoimein bu mho a chithinn gus mu dheireadh an do lion mi a' mhaileid anns an bithinn a' giulan mo bhidh. 'Na dheigh sin cheangail mi air mo dhruim am pios feola bu mho a fhuair mi, agus cheangail mi 'mhaileid gu teann, cruaidh ri mo chrios. An sin leig mi mi-fhein air mo bheul fodham air an talamh.

Cha robh mi fada 'na m' sh neadh mar so an uair a thainig iolaire mhor, agus thog i leatha an fheoil agus mi-fhein 'na cruidhean a cheart cho sgiobalta 's ged nach biodh aice ach uan, agus dh'fhag i mi anns a' nead aig na h-iseanan.

Ghrad thoisich na marsantan ri glaodhaich gus eagal a chur air na h-iolairean, agus an uair a chuir iad air falbh as na neadan iad, thainig fear dhiubh a dh' ionnsuidh an nid anns an robh mise. Ghabh e eagal gu leor an uair a chunnaic e mi. Ach an uair a thainig e thuige fhein, an aite faighneachd cia mar a thainig mi do'n nead, is ann a thoisich e ri triod rium, agus ri radh gur ann a ghoid nan daoimean a thainig mi.

"Bidh tu na 's modhaile rium," arsa mise, "an uair a bhios am barrachd eolais agad orm Na cuir an corr dragha ort fhein, tha de dhaoimein agamsa na dh' fhoghnas dhuinn le cheile. Tha barrachd agam na th' aig na marsantan gu leir. Cha'n 'eil acasan ach daoimein bheaga; ach thagh mise na daoimein bu mho a chunnaic mi air urlar a' ghlinne, agus tha iad agam an so anns a' mhaileid." An uair a thuir mi so ris, dh' fheuch mi dha iad.

Anns an t-seanachas dhuinn thainig na marsantan eile far an robh sinn, agus bha ioghnadh gu leor orra an uair a chunnaic iad mi. Ach bha moran a bharrachd ioghnaidh orra an uair a dh' innis mi dhaibh a h-uile car mar a dh' eirich dhomh. Ged a chuir an doigh a ghabh mi gu faotainn as a' ghleann ioghnadh orra, bu mho gu mor a bha dh' ioghnadh orra a chionn mi bhith cho misneachail 's gu'n do dh' fheuch mi rithe.

Thug iad leotha mi a dh' ionnsuidh an aite anns an robh iad a' fuireach, agus an uair dh' fhosgail mi a' mhaileid agus a nochd mi dhaibh na daoimein, thuirt iad nach fhaca iad daoimein riamh cho mor riutha ann an aon aite anns an robh iad. Dh'iarra mi air a' mharsanta do 'm buineadh an nead anns an d'fhag an iolaire mi (oir bha nead aig a h-uile marsanta dha fhein) na thogradh e dhe na daoimein a thoirt leis. Ach cha ghabhadh e ach am fear bu lugha a bh' anns a' mhaileid; agus an uair a bha mi 'coiteach tuilleadh dhiubh air, thuirt e gu'n robh e riarichte leis an aon fhear, agus gu'n robh e smaointean nach ruigeadh e leis a bhith 'g iarraidh tuilleadh fortain ri 'bheo.

Chuir mi an oidhche seachad comhladh ris na marsantan, agus dh'innis mi dhaibh an dara uair a h-uile car mar a thachair dhomh o 'n a dh'fhalbh mi as an taigh.

Bha aoibhneas anabarrach mor orm a chionn gu'n d'fhuair mi as an aite chunnartach 's an robh mi. Is gann gu'n tugainn orm fhein a chreidsinn nach e brudar a chunnaic mi.

Lean na marsantan air tilgeadh na feola do'n ghleann fad aireamh laithean, agus an uair a bha iad riarichte leis na fhuair iad de dhaoimein, rinn iad deiseil gu falbh dhachaidh. Dh' fhalbh mise comhladh riutha. Air ar turus chaidh sinn tarsuinn air beanntanan arda anns an robh nathraichean a bha anabarrach mor. Ach gu fortanach cha d' rinn iad cron sam bith oirnn. Rinn sinn direach air a' bhaile-puirt a b' fhaisge dhuinn. 'Na dheigh sin thainig sinn gu eilean do 'm b' ainm Roha. Anns an eilean so tha na craobhan camphoir a' fas. Tha iad anabarrach mor, agus tha na meanglain a' sgaoileadh am mach cho fada mor thimchioll orra 's gu'n cuireadh iad 'sgaile air ceud fear. Tha 'n sugh air am bheilear a' deanamh a' champhoir a' sruthadh am mach as na craobhan an uair a nithear toll anns an rusg aca. An uair a ruitheas an sugh gu leir am mach asda, tha iad a' seargadh.

Anns an eilean so tha fiadh-bheathaichean ris an canar rinoceros. Cha 'n eil iad cho mor ri elefant, ach tha iad na 's mo na 'n crodh fiadhaich. Tha aon adhairc a' fas as an t-sroin aca a tha mu throidh gu leith air fad. An uair a theid an rinoceros a shabaid ris an elefant, tha i 'cur na h-adhairc anns a' chorp aice agus 'ga grad mharbhadh. Ach an uair a theid fuil agus bloinig na h-elefant ann an suilean na rinoceros, tha i 'call a fradhairc, agus rud iongantach, tha 'n roc a' tighinn agus tha i 'g an togail air falbh le cheile 'na cruidhean gus na h iseanan a bheathachadh. Ach gu sgeul goirid a dheanamh dheth, cha toir mi iomradh air na nithean iongantach eile a chunnaic mi anns an eilean so.

Cheannaich mi bathar anns an eilean so le fear dhe na daoimein a bh' agam. Chaidh sinn do dh' eileanan eile far an d' rinn sinn malairt mar an ceudna. Agus an deigh dhuinn taghal ann an caochladh bhailtean air tir mor, rainig sinn mu dheireadh Balsora. As a sin thainig mi dhachaidh gu ruige Bagdad.

An uine ghoirid an deigh dhomh 'tighinn dhachaidh, thug mi deirce do na bochdan, agus bha mi 'caitheamh mo bheatha gu measail cliuiteach mar a thigeadh do dhuine aig an robh saobhreas mor.

An uair a chuir Sindbad crìoch air a naigheachd, thug e ceud bonn oir eile do Hindbad, am portair. Agus thuirt e ris e thighinn an la-iar-na-mhaireach a chum gu'n cluinneadh e mar a dh' eirich dha air an treas turus-cuain a ghabh e.

Chaidh na h-aoidhean eile dhachaidh, agus thainig iad air ais an la-iar-na-mhaireach aig an uair ainmichte. Thainig am portair air ais aig a' cheart uair mar an ceudna, agus is gann gu 'n robh cuimhne aige air an eis agus air na trioblaidean troimh an deachaidh e roimhe sid.

Air an ath latha an uair a chruinnich na h-aoidhean agus am portair, agus a ghabh iad an dinnear, thoisich Sindbad ri innseadh dhaibh a naigheachd mar so:-

"Cha robh mi fada," ars' esan, "aig an taigh an uair a dhichuimhnich mi gach cunnart is trioblaid is amghair troimh 'n deachaidh mi air an turus mu dheireadh a bha mi air falbh. Bha mi ann an treun no neirt aig an am, agus bhi mi 'fas sgith dhe 'n bheatha shocraich a bha mi 'caitheamh. O'n a fhuair mi gu sabhailte as gach cunnart 's an robh mi air an da thurus a bha mi air falbh, bha mi 'smaointean nach tachradh cunnartan bu mho na iad rium gu brath tuilleadh.

"Dh' fhalbh mi a Bagdad gu ruige Balsora, agus thug mi leam am bathar bu luachmhoire a bha ri fhaotainn. Thuarasdalaich mi fhein agus marsantan eile long mhor eadrainn, agus an uair a luchdaich sinn i leis gach seorsa bathair, sheol sinn.

Chaidh sinn air turus fada, agus fad iomadh latha bha 'n soirbheas cho fabharach 's a dh' iarramaid. Ach thainig stoirm mhor oirnn, agus chaill sgiobair na luinge a chursa. Lean an stoirm fad iomadh latha. Mu dheireadh thainig sinn gu eilean araidh. Dh' aithnich an sgiobair an t-eilean, agus cha robh e deonach a dhol a steach do 'n acarsaid idir; ach o'n a bha 'n t-side cho fiadhaich, b' fheudar dhuinn acrachadh innte. An uair a phaisgeadh na siuil, dh' innis an sgiobair dhuinn, gu 'n robh an t-eilean agus na h-eileanan eile a bha faisge air, lan de dhaoine fiadhaich, agus ged nach robh iad ach beag, gu 'n tugadh iad ionnsuidh air ar beatha 'thoirt dhinn. Agus

[TD 235]

[Vol. 6. No. 30. p. 3]

thuirt e gu 'n robh iad cho lionmhor ris na locuist, agus nach b' urrainn duinn cur 'nan aghaidh. Thuirt e mar an ceudna, nam marbhamaid fear dhiubh gu 'n eireadh cach 'nar n-aghaidh, agus gu 'n cuireadh iad gu bas sinn anns a' mhionaid.

An uair a chuala sinn so, ghabh sinn eagal mor. Ann an uine ghoirid

thuig sinn gu 'n robh na dh'innis e dhuinn fìor gu leor. Shnamh aireamh mhor dhiubh a dh' ionnsuidh na luinge. Cha robh iad ach mu dha through air airde, agus bha iad comhdaichte le gaosaid ruaidh o bhonn gu bathais. Chuartaich iad an long, agus bha iad a' bruidhinn ruinn; ach cha robh sinn a' tuigsinn aon fhacal dhe na bha iad a' radh. Shreap iad suas ri cliathach na luinge, agus thainig iad, air bord.

(Ri leantuinn.)

Mu na Seann Ghaidheil.

LEIS AN URR. D. B. BLAIR, D. D., NACH MAIREANN.

VII.

Dhearbhadh sinn a nis gu soilleir gu'm b'e an t-aon sluagh ceudna a bha 'chomhnuidh an ceann tuath na h-Alba fad mìle bliadhna—o làithibh Agricola gu linn Challuim a' Chinn Mhòir. Ré thrì cheud bliadhna theireadh na Ròmanaich Caledonaich riutha; agus ré sheachd ceud bliadhna theirteadh Pictich riu leis na Romanaich agus leis na Seanachaidhibh; an déigh sin fhuair iad an t-ainm Scuitich; ach 'n am measg féin b'e an t-ainm a bha orra daonnan, na Gàidheil, agus bi a' Gàilig a' chainnt a bha iad a' labhairt riabh

Tha cuid ag ràdh gun do chailleadh an t-seann chàin an uair a fhuair Coinneach Mac Ailpein an rìoghachd, agus gur ann o na Scuitich a sgaoil a' Ghàilig air feadh na h-Alba; ach cha ghabh so creidsinn, oir tha e soilleir gun robh Gàidheil a chomhnuidh 'an ceann deas na h-Alba agus 'an Eilean Mhanainn, agus mar an ceudna an Eirinn fada mu'n d' thainig Agricola, no Iulius Caesar, no neach sam bith dhe na Ròmanaich thar a' Chaoil Bhreatunnaich. Tha Gàilig Mhanainn na's cosmhuil ri Gàilig Albainn na tha i ri Gàilig Eirinn; agus tha so a' dearbhadh gum b'e an t-aon sluagh a ghabh comhnuidh air tùs ann am Manainn agus ann an Albainn. Anns a' Ghàilig Mhanainnich gheibhear an lide diultannach, no am focal àicheidh Albannach cha, an àite an fhocail àicheidh Ni, no Nior, mar so, <eng>"cha rel feeyn aca," <gai> cosmhuil ris a' Ghàilig Albannaich, "cha'n 'eil fion aca" an àite na dòigh Eireannaich "ni bhuil fion aca." Their na Manainnich a rithist <eng>"va mi," <gai> agus na h-Eireannaich "do bhi mi." Mar an ceudna their na Manainnich, <eng>"cha vel, cha rou, cha bi," <gai> agus na h-Eirionnaich "ni bhuil, ni rabh, ni bitheann." Tha Gàilig Mhanainn mar so ni's faisge air Gàilig Albainn agus tha sin a' feuchainn gun robh na h-aon Ghàidheil ann am Manainn agus an Albainn o shean. Tha e soilleir mar an ceudna gu'n robh na Gàidheil an ceann deas na h-Alba anns na linnibh o chian, oir gheibhear mòran de ainmibh nan àitean air an toirt o'n Ghàilig. Tha cùnntas againn gu'n robh seilbh aig na Caledonaich agus aig na Pictich air an tìr sin gu deas air caolas na Friù gu ruig a' chrìoch Shasunnach, agus cha robh na Scuitich riabh a chomhnuidh an sin. Gidheadh, cha robh sluagh Gàidhealach sam bith a' fuireach, no Gàilig 'ga labhairt anns an dùthaich sin, o 'n a thainig Ida rìgh nan Gall Sasunnach, a ghabhail seilbh air an tìr 's

a' bhliadhna A.D. 547, còrr us trì cheud deug bliadhna roimhe so. Cò, uime sin, a thug na h-ainmean Gàidhealach air na h-àitean ud mur robh Gàilig aig na Pictich? Tha na h-ainmean Gàilig so cosmhuil ri ainmibh aitean eile far an robh na Pictich 'nan aonar a chomhnuidh agus far am bheil na Gàidheil, an sliochdsan, a chomhnuidh gus an là an diugh. Ann an Siorramachd Haddington tha sgìreachd ris an aorar "an Garbh-allt," air a h-ainmeachadh o'n t-sruth, no an t-allt a tha 'ruith troimpe, ris an abrar an t-Allt-Garbh. Ciod an dealachadh ann an seadh eadar an t-ainm an Garbh-Allt ann a Haddington, agus an t-Allt-Garbh ann am Braighe Loch abar? Nach Gàilig iad la chéile? Nach tuigear ciod a's ciall doibh leis na h-uile mac Gaidheil a chluinneas an t-ainm? Ann am Bràighe Mhàr, am fagus do Bhaile-chaisleil, tha allt ris an abrar an Garbh-allt mar an ceudna. Tha so a' dearbhadh gu'm b'e an sluagh ceudna a bha a chomhnuidh ann a Haddington agus am Bràighe Mhar, gu n do labhair iad an aon chanain, agus gu m b'i sin a' Ghàilig.

Tha baile ann a' Haddington ris an abrar Dunbar; tha so a' ciallachadh Dun, no daingneach, a tha suidhichte air bàrr, no air rugha; agus tha e freagarrach do'n àite sin-a tha suidhichte mar sin. Tha àite eile 'm fagus do Dhùn-eidin, mar leth-mhìle bhuaithe, ris an abrar Dail-Rìgh; 's tha mòran aitean 's a' Ghàidhealtachd air am bheil an t-ainm so, agus tha e soilleir do neach air bith aig am bheil Gàilig. Tha ainm a' bhaile Dun-Eidin, a' nochdadh mar an ceudna gun robh Gàilig air a labhairt 's an taobh deas aig an àm sin. Thugadh an tìr so bho na Pictich le Ida agus na Gaill 's a bhliadhna 547. B'e Edwin no Eidin an ath rìgh a bha air na Gaill an déigh Ida. Thòisich esan air rioghachadh 's a' bhliadhna A.D. 617, agus mharbhadh e 's a' bhliadhna 633 le Caldwalla rìgh nan Breatuinneach, agus Penda rìgh Mhercia. Uime sin b'ann eadar an dà àm so a thog Edwin suas as ùr agus a chàirich e an seann Dùn a bha aig na Pictich, agus air an robh Dun-Monaidh mar ainm an toiseach, mar a chithear ann an roimh-ràdh Leabhar-Urnuigh Easbuig Charswell (a cheud leabhar a chlà-bhualadh an Gàilig.) O cheann còrr us trì cheud bliadhna chlà-bhualadh e "ann an Dun-Eidin, d'am bu chomh-ainm Dun-Monaidh, an 24mh la de'n mhìos <eng>April<gai> 's a' bhliadhna 1567." B' éigin gu'n tugadh Dun-Eidin mar ainm air a' bhaile cho fad 's a bha rìgh Edwin beò, 'se sin roimh 'n bhliadhna 633, oir an déigh a bhàis cha bhiodh e dualach an t-ainm a thoirt air, do bhrìgh nach biodh e cho soilleir co a rinn an daingneach mu'n do ghlac na Gaill an t-àite, agus b' éigin gu'n d' fhuair e an t-ainm so fada mu'n d' thainig Agricola agus na Ròmanaich do'n tìr, oir bha an earrann sin de Albainn cho làn sluaigh le 'm bailtibh daingnichte agus gu'n do ghabh an Ceannard Romanach so dà bhliadhna a' ceannsachadh nan Gàidheal a bha gu deas air caolas na Friù agus air Cluaidh. Tha mòran eileanan ann an caolas na Friù ris an abrar Innis, mar tha Innis-cheith, Innis-Challuim, an Innis-Gharbh. Is ainmean Gàilig iad so uile agus tuigear iad leis gach Gàidheal. Agus tha mòran àitean eile air readh nan trì Lothianan ris an abrar Inbhear, far am bheil dà abhainn, no dà allt, a' coinneachadh a chéile agus a' dol cuideachd, mar tha Inbhear-bhuic, Inbhear-Lite, Inbhear-uisge, Inbhar-abhuinn, agus mar sin sìos. Ann an siorramachd Linn Liobhann gheibhear na h-ainmean soillear Gailig so: Acha-nam-bàrd, Baile Bhàird, an Abhoinn, Baile-na-Craoibhe, Creag-nan-Gall,

Dail-nam-meann, Druim-beag, Druim-buidhe, Druim-dubh, Druim-loisgte, Druim-millidh, Dun-tairbh, Torr-fhithichean, agus mar sin sìos. Agus an siorramachdaibh Dhunfris, Roxburgh, Ghalloway, agus Shelkirk tha an tìr làn ainmean Gàidhealach, mar tha Sean-chathair, an Carnseilich, Dail-Rìgh, Dun-[-?]. Tha so na dhearbhadh gu'n robh an tìr son uair làn Ghàidheal, agus ged a dh'fhalbh an sluagh agus a theirig a' Ghàilig anns na ceàrnaibh sin, gidheadh dh'fhuirich na h-ainmean a thug iad air na h-aitibh gun atharrachadh gus an là an diugh. Thugadh na h-ainmean so air na h-aitibh ud ceudan bliadhna mu'n d' thàinig na Ròmanaich do dh' Albainn, o cheann còrr agus dà mhìle bliadhna roimhe so, agus tuigear iad leis gach Gàidheal a' cheart cho math agus ged a b'ann an dé a dh' ainmicheadh iad. Mur bu Ghàidheil na Caledonaich agus na Pictich cia mar a b'urrainn so a bhith.

Tha ni eile a dhearbhas gur h-i a' Ghàilig a labhair na Pictich; se sin Dàin Oisein. Rinneadh na Dàin so eadar A. D. 207, linn an Impire Severus, agus A D. 276, a' bhliadhna 's an do mharbhadh Oscar mac Oisein le Cairbre Ruadh. Bha so mu thuairim sea ceud bliadhna roimh linn Choinnich Mhic Ailpein, agus na 'm biodh a' Ghàilig air a h-atharrachadh an sin rachadh na Dàin air chall, no bhiodh iad air am measgadh le facail Eireannach. Ach cha'n 'eil measgadh sam bith annta. A nise mur biodh an sluagh ceudna air fantuinn anns an tìr, 's a' labhairt na cànan cheudna a bha aig an sinnsearaibh, cha tigeadh na Dàin so nuas air chuimhne bho linn gu linn. Dh'fheumadh iad a bhi air an aithris o bheul gu beul le daoineibh a bha làn-thuigsinn na cànan anns an do chuireadh ri chéile iad air tùs mu'm b' b'urrainn so tachairt. Uime sin tha na Gàidheil a chòmhnuidh anns an tìr o linn Oisein,—no ann am briathraibh eile 'si a' Ghàilig a labhair na seann Chaledonaich agus na Pictich.

(A' chrìoch.)

[TD 236]

[Vol. 6. No. 30. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 21 IANUARAI DH 1898.

A Amhuinn Dhennis.

Bha side gle bhriagha againn an so gus o chionn ghoirid; dh' fhàs i car fuar air an t-seachdain so. Bha Di-màirt 'na latha gle reòta.

Tha boirionnach a fuireach anns an àite so, bantrach Uilleim Mhic Leòid, a tha ceithir fichead bliadhna 'sa h-ochd deug a dh' aois; theid aice air sniomh 's air fighe stocainn a dheanamh, 's theid aice air snath a chur ann an snathaid bhig. Cha do chuir i speuclair m'a sùilean riamh. Rugadh i anns an Eilean Sgiathanach, agus anns a bhliadhna 1839 thainig i mach do Eilean a' Phrionnsa, far 'n do dh' fhuirich i àireamh bhliadhaichean mu 'n d' thainig i do 'n àite so. Tha i an so riamh uaithe sin gu slàn 's gu sona.

Tha Uisdean Mathanach, a mhuinntir an àite so, a bha o chionn àireamh bhliadhnaichean ann an <eng>Columbia<gai> Bhreatunnach, an deigh an t-àite sin fhàgail, 's e 'cur roimhe dhol do 'n Chlondaic. Gu ma math a theid leis.

Chaochail Domhnull Mac Gill-fhinnein ann an so air an 29mh latha de 'n mhios s'a chaidh. Bha e tinn ùine mhor. Bha e gle mheasail aig na h-eòlach uile. Is mise do charaid,

AN T-OGANACH.
Ian. 12, 1898.

'S Toigh Leis Mac-Talla.

A CHARAID:—Tha mi cur dolair g'ur n-ionnsuidh air son MAC-TALLA air son na bliadhna so. Tha mi 'ga leughadh gach seachdain le mor thoileachadh, gu sònruichte na "Sgeulachdan Arabianach," agus "Mu na Seann Ghàidheil"—agus moran eile. Tha mi 'guidhe soirbheachadh mor agus bliadhna mhath ùr dhuibh. Is mi ur caraid,

ALASDAIR MARTUINN.
Valleyfield, E. P. I.

Feuch nach dean thu dearmad air MAC-TALLA. Cuir a phàigheadh uige gun dàil.

Mu Reul-iuil na h-Airde-tuath.

Tha'n real so furasda chomharachadh, a thaobh nach 'eil i 'g

atharrachadh a h-àit anns an speur ach ro bheag. Leis mar tha i do ghnàth r'a faicinn ghoirid o'n aon àite, tha i 'na reul-iùil do'n mharaiche, gu h-àraidh a mach air a' chuan. Mun d'fhuaradh a' chòmbaist a mach, cha robh riaghailt stiùraidh a b'fhèarr aig a' mharaiche na'n reul so; agus eadhon san àm so, 'nuair a tha na speuran soilleir, feudaidh iad, ann an iomad àite, barrachd earb 's a dheanamh aisde na á tarrang-art na combaiste. Tha so gu nadurra 'gar tarruing gu smuaieachadh air maitheas Dé, a tha mar so, le suidheachadh agus gluasad nan reul, a toirt fiosrachadh do dhaoibh air amannaibh agus air ionadaibh. Innsidh esan a tha eòlach air gluasad nan reul, ann an dùthaich anns nach robh e riamh roimhe, a' cheart àit anns am bheil e. Is aithne dha am mìos, an latha, agus an t-àm do'n latha, co cinnteach 's ged a bhiodh an t-uaireadair a b'fhèarr aige, Is furasda so a thuigsinn ma bheachdaicheas sinn gu bheil na reultan a' teachd gach oidhche ceithir mionaidean ni's luaithe chum an àite d'an d'fhàinig iad an raoir; agus, uaithe sin, gu bheil iad a' teachd dà uair an uaireadair an comhair a' mhìos ni 's tràithe. Mar so chi sinn an rionnag a tha sinn a' faicinn an nochd aig deich uairean, ma sheasas sinn san àite cheudna mìos o'n nochd, 'sa cheart aite sin aig ochd uairean; agus gheibh thu an rionnag a tha air a' mheadhon oidhche 'n nochd calg dhìreach os ceann, bliadhna o'n nochd sa' cheart àite. An so aidicheamaid tròcair chaomh an Tighearna do'n t-saoghal. 'Se so am feum a's suarraiche tha na reultan a' freagradh ann an cruthachadh Dhé; gidheadh tha so féin 'na aobhar taingeachd.

Tha sinn a smaoinichadh gu bheil am MAC-TALLA 'san am a tha so gle airidh air a leughadh. Tha na Sgeulachdan Arabianach a toirt toileachaidh do mhoran bho sheachdain gu seachdain. Tha sgrìobhaidhean "Chona" làn de dheagh fhios rachadh, agus tha sinn a' cluinntinn gu bheil am luchd-gabhail 'gan leughadh le mor thlachd. Agus tha Eachdraidh nan Caimbeulach a toirt toileachaidh agus fiorrachaidh dhuinn eile. Anns an àireamh so gheibhear oran laghach, "Ann Gille beag aig Da." A bharrachd orra so uile tha litrichean á caochladh àiteachan, gun iomradh air naigheachdan na seachdain agus nithean eile. Tha sinn air an aobhar sin, dhe'n bharail gur fhiach MAC-TALLA a leughadh cho math ri phaipeir sam bith a tha tigh'nn air na crìochan.

Tha luchd-riaghlaidh nan Stàitean air a dhol gu mi-chiataibh. Cha'n fhaod neach a nise dhol a stigh air crìochan na dùthcha ma bhios còta no bad sam bith de bhian ròin uime, gun e bhi air a thoirt uaithe. Thug dithis bhoirionnach a mhuinntir Halifacs ionnsuidh air a dhol do na Stàitean o chionn ghoirid; ach bha còta de bhian nan ròin aig gach te dhiubh, agus b' fheadar dhaibh tilleadh aig a chrich neo bhiodh iad 'gan dith!

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers, <gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?

Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 237]

[Vol. 6. No. 30. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha stoirm shneachda ann an raoir 'san diugh a rinn e car duilich do
dhaoine dhol mu'n cuairt. Cha'n eil sinn an dùil gu'n d' rinneadh
milleadh mor air na ròidean oir cha robh an cathadh gle mhor.

Tha àireamh shoithichean a mhuinntir Cheap Breatunn gu dhol a mach
dh'ionnsuidh na deighe a mharbhadh nan ròn toiseach an ath mhios.
Tha iadsan a tha ris an obair so gach toiseach earraich a' deanamh

gle mhath.

Tha ainmean na muinntir a phaigh o chionn seachdain ri 'm faicinn ann an àit eile. Tha sinn fada 'nan comain, ach bu mhath leinn gu'm biodh an àireamh nas motha mar bu chòir i bhith. Tha sinn an dòchas nach eil aon aig am bheil am paipeir mi phàigheadh nach dean sin romh dheireadh a mhios.

Chaidh ceathrar ghillean fheuchainn ann an <eng>Springhill, N. S., <gai> air an t-seachdain s'a chaidh air son iad a thoirt ionnsuidh air fear de'n companaich a chrochadh. Ge b'e de eile rinneadh orra fhuair triùir dhiubh deagh ghabhail orra o'm pàrantan fhéin mu'n d' fhàg iad am prìosan. Thugadh mar sin dhaibh leasan nach diochuimhnich iad an ùine gle ghoirid.

Chaidh coig bliadhna fichead dein tigh-obrach a thoirt do Iomhar Gibson, duine dubh ann an <eng>Kentville, N. S., <gai> air son e bhristeadh a stigh do stòr anns an àite sin agus naodh dolair fhichead a dh' airgead a ghoid. Cha'n eil ach da bhliadhna o'n fhuair Gibson as an tigh-obrach roimhe. Fhuair e deich dolair dhe'n airgead air a shiubhal 'nuair a chaidh a ghlacadh.

Tha Joaquin Miller, bàrd ainmeil nan Stàitein an Iar an deigh baile Dawson, faisg air Clonaid a ruigheachd. Air a thurus chaill e te dhe chluasan agus a dha de mheòirean a chas leis an reothadh, agus rinneadh milleadh eile air a bharrachd air sin. Bha e ann an suidheachadh gle through 'nuair a rainig e Dawson. Tha Miller thairis an tri fichead bliadhna 'sa deich a dh'aois. Nach treun e do sheann duine.

Tha ùpraid mhor a dhol air adhart ann an Sidni Tuath o chionn beagan ùine air ais a thaobh smuglaidh. O chionn mìos no còrr chaidh roinn mhor de stuth làidir a bha air bòrd scithich a thainig a stigh a ghlacadh, agus o chionn beagan us seachdain chaidh an caiptean agus dithis dhe'n sgioba a chur dh' an phrìosan. Chuireadh mu dheibhinn dithis a mhuinntir a bhaile chur an greim cuideachd, ach bha fear dhiubh nach gabhadh faotainn. Oidhche Di-haoine s'a chaidh fhuair an caiptean teicheadh as a' phrìosan agus cha d' fhuair e sgeul air uaithe sin. Cha d' thainig crìoch air a' ghnòthuch fhathast; tha 'san ainm gu bheil tuilleadh de mhuinntir a bhaile ri bhi air an cur an greim, agus cuid nach buin do'n bhaile idir.

Tha pàrlamaid Nobha Scotia ri bhi cruinn air an t-seachdamh latha fichead dhe'n mhios, Dior-daoine s'a tighinn. 'Se so a cheud uair dhi suidhe an deigh an taghaidh, agus tha cead laghail aice suidhe còig bliadhna an deigh a chéile. Fad ceud bliadhna roimhe so, cha robh cead aig pàrlamaid Nobha Scotia suidhe ach ceithir bliadhna an deigh a chéile, ach air a gheamhradh s'a chaidh rinneadh achd ùr leis am bheil cead aice suidhe coig bliadhna. Tha a phàrlamaid ur so na's aon-taobhaiche na pàrlamaid 'sa mhor-roinn so riamh roimhe. Tha ochd buill dheug air fhichead innte agns dhe'n àireamh sin is <eng>liberals<gai> coig deug air fhichead, agus is <eng>conservatives<gai> a triùir. Faodaidh mar sin am Prìomhair agus a phàirtidh deanamh mar a chi iad fhein iomchuidh re nan coig

bliadhna tha tighinn, ach tha fhios nach dean iad ni sam bith nach biodh a chum math na dùthcha.

Chaidh fear Micheil Nehiley a mharbhadh ann a Halifacs o chionn beagan us seachdain air ais, le tuiteam ann an toll soithich a bhatar a lionadh. Cha robh e beò ach beagan uairean an deigh dha tuiteam.

Chaochail an t-Onarach Tearlach P. Villiers, fear de bhuill na pàrlamaid Bhreatunnaich o chionn ghoirid ann an Sasuinn. Theirte "Athair Tigh nan Cumantach" ris; bha e na bhall de'n tigh sin riamh o'n bhliadhna 1835. Bha e ceithir fichead us sia bliadhn' deug a dh' aois.

Tha brat math sneachda air an talamh an nise. Shil roinn mhor oidhche Shatharna s'a chaidh agus tha na ròidean mar a's trice gle mhath, cho math sa thig air a' gheamhradh se. Tha sinn an dòchas gu mair iad mar sin, agus gu faigh na tuathanaich agus feadhainn eile cothrom air an cuid obrach a dheanamh.

Bho 'n dhùin an acarsaid 'sa sguir na bàtaichean a ruith eadar an da bhaile, tha carbad-iaruinn a' ruith maduinn us feasgar ceithir latha dhe'n t-seachdain. Bhiodh e moran na bu dheiseile an carbad a bhi ruith sia latha, ach o nach fhaighear sin a chionn nach eil na tursan a' pàigheadh gu ro mhath, 's còir do mhuinntir an da bhaile feuchainn ri bhi toilichte.

Bha strith mhor eadar bailtean mora Halifacs agus <eng>St. John<gai> o chionn bliadhna feuch co aca gheibheadh a bhi 'na phort-geamhraidh do Chanada. Chaidh a' chuis le <eng>St. John<gai> a chionn gu'm b'e port bu fhreagarraiche na Halifacs, agus air sàilleabh sin tha malairt mhor a' dol air adhart troimh 'n bhaile; tha chuid a's motha de na tha falbh 'sa tighinn de bhatar do Chanadh a' dol troimh 'n phort sin.

Bha Mr. Friseal, aon de àrd luchd-dreuchd na cuideachd a tha bruidhinn air obair-iaruinn a chur air adhart ann an so, air beulaobh comhairle na siorrachd Dior-daoin, ag iarraidh a chuideachd a bhi' air a saoradh o chisean. Rinn e òraid ghasda, anns 'n do chuir e fa 'n comhair gach feum a dheanadh an obair-iaruinn d'an t-siorrachd. Aig àm sgriobhadh cha d'rinn a chomhairle fregairt a thoirt da, ach tha e gle choltach gu'n deanar gach misneachd is urrainnear a thoirt daibh.

Tha 'm bhaile so, agus gach bail eile 'sa mhor-roinn gu bhi taghadh Ard-bhàillidh agus comhairlichean air Di-màirt a' cheud latha de'n ath mhios. A reir coltais cha'n eil duine gu ruith air son Ard-bhàillidheachd Shidni ach Mr. Crowe, a thug deagh riarachadh anns an dreuchd sin air a bhliadhna s'a chaidh. Air son chomhairlichean, tha dol a ruith anns a cheud earann dh'n bhaile, Domhnull M. Currie, agus Iain Poushay; anns an darra h-earrann Tearlach Mac Fhionghain agus Reynolds Harrington; 's anns an treas earran, Raonull Gillios, agus E. C. Hanrahan.

Iadsan a Phaigh.

Caipt A. I. Moireastan, <eng>Port Hawkesbury<gai>

\$4.00

Caorstaidh B. Domhnullach, Amhuinn Tuath

\$4.00

Dughall Domhnullach, Gleann Comhain,

Lachuinn Mac Faidein, Valley Mills.

Aonghas Mathanach, Gut a Tuath.

Domhnull Moireastan, Ceap Nor.

Cassie C. Domhnullach, <eng>South Cove.<gai>

Eoghann Moireastan, Allt Dubh Mhira.

Bean Neill Mhoireastain, <eng>Salem Road.<gai>

Iain L. Mac Gilleain, <eng>Woodbine,<gai>

50c

Eobhann A. Mac Eachairn, am Béighe 'n Ear,

50c.

Iain I. Sutherlan, <eng>Kenowgare, N. S.<gai>

An t-Urr. R. MacGilleain, <eng>Valleyfield, E. P. I.,<gai>

\$2.00

Alasdair Martuinn, M. P. <eng>Valleyfield, E. P. I.,<gai>

S. M. Martuinn, <eng>Heatherdale, E. P. I.<gai>

Donnachadh Mac Aonghais, <eng>Mac Intyre, Ont.<gai>

Padruig Cràbhard, Dùbhairt, Ont.

I. L. Lister, <eng>Fergus, Ont.<gai>

50c.

Alasdair Mac Citheagain, <eng>Everett, Mass.<gai>

Donnachadh Kerr, Mass.

\$3.00

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid

sin de 'n ghnòthuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35
Orain Iain Luim

.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 238]

[Vol. 6. No. 30. p. 6]

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

Tha e air a radh gu 'n robh Duibhne Loch Odhe 'na fhear-sporain aig rìgh Donnachadh I, agus mar an ceudna aig a mhac, Calum Ceann-mor, araon romh àm aramach Mhic Bheith agus na dheigh; agus mar an ceudna gu 'n do nochd an rìgh am mor luach a chuir e air a sheirbheis le 'dheanamh na ridire. An deigh a bhais thainig a mhac fhein d' am b' ainm GILLE-CALUM 'na àite. Theirte Gille-Calum Mac Duibhne ris. Bha an linn anns an robh e beò lan luasgain 'us troimhe cheile ann an Alba. Cha 'n urrainn sinn a bhi cinnteach cuin a dh' eug e. Bha mac aige d' am b' ainm Gillespic. B' esan GILLESPIC Mac Ghille-Chalum Mhic Dhuibhne. Bha dithic mhac aig Gillespic, Donnachadh am mac bu shine agus Dughall. 'S ann bho Dhughall so a thainig Caimbeulaich Chreignish a mach. Thainig DONNACHADH a stigh air Loch Odha an àit' athar. Bha dithis mhac aig Donnachadh, Dughall a mac bu shine, agus Iomhar. Tha e air a radh gu 'm b' esan prìomh-athair Chloinn Iomhar. Thainig mar sin Cloinn Iomhair agus na Caimbeulaich a mach bho 'n aon stoc air tus.

Thainig DUGHALL Mac Dhonnachaidh Mhic Ghillespic a stigh air

oighreachd athar. B'è Dughall so a cheud fhear de 'n fhine a bha air a shloinneadh Caimbalaich, ('s ann mar sin a bha 'n t-ainm air a litreachadh an toiseach). 'Se Dughall Caimbeul a theirte ris, agus is ann air-san a tha na Caimbeulaich air an ainmeachadh bho 'n àm ud a mach. Bha da mhac aig Dughall Caimbeul, mar robh an corr; Gillespic an t-oighre, agus Eobhann. 'S ann bho Eobhann so a thainig Caimbeulaich Loudan a mach. Bha Gillespic Mac Dhughail Chaimbeil posda ri Eiric nighinn Tighearna Charric, bho 'n robh teaghlach aige. Bha esan beò ri linn Alasdair I. agus Alasdair II., rìghrean Alba.

'Nuair dh' eirich Somhairle II, tighearna nan Eilean, ann an ceannairc an aghaidh an rìgh anns a bhliadhna 1221, thainig rìgh Alasdair II. le feachd laidir a nall do Earra-ghael chum peanas a dheanamh air. Ghabh an Domhnullach an ruaig agus theich e do na h-eileanan. Thog an rìgh aig an àm ud Earra-ghael gu bhi na siorrachd, agus rinn e Gillespic Loch Ódhe 'na shiorram agus shuidhich e 'n dreuchd sin mar dhùthchas, no mar chòir oighre 'na theaghlach.

Thainig CAILEAN mac Ghillespic gu bhi 'na uachdaran an àite athar fhein. Bha Cailean na dhuine cliùiteach 'na latha agus 'na linn. Tha iomradh fathast air mathas agus deagh-bheus an duine so a measg muinntir Earra-ghael. 'S e Cailean Mor a theirte ris. 'S ann uaithe-san a tha Mac Chailean Mhoir air a radh ri Diùc Earra-ghael gus an latha an diugh. Bha Cailean Mor agus Dughallach Lathairn a mach air a cheile. Chuir iad cath fuilteach aig Balach-na-Scringe. Ghabh na Dughallaich an ruaig, ach thuit Cailean Mor anns a bhlàr. Thachair sin anns a bhliadhna 1260. Bha e air adhlacadh an Cille-Chrianain an Loch Odha.

B'è NIALL mac Chailean Mhoir aon de "Fhiughalaich Raibeart Bhrus." Bha e airidh air an ainm oir bha e air leth dileas do 'n Bhrusach. Sheas e 'thaobh gu gaisgeil nuair bha moran de mhaithean na dùthcha a gabhail taobh Bhàlioil anns an stri a bh' ann. Bha Niall mac Chailean Mhoir a' cogadh air taobh a Bhrusaich an aghaidh nan Dughallach agus fineachan eile nach robh cairdeil ris an rìgh. 'S ann an Dail-an-rìgh, am Peirt, a spian an Dughallach am braist dheth uchd a Bhrusaich. Tha 'm braist aig na Dughallaich fathast ach 'nuair fhuair am Brusach thun na cathrach chaill am fear a rinn an gnìomh gaisgeil so a chuid fearainn. B'è Niall mac Chailean, aon de na Barain a shuidh am pàrlamaid Ara an 1314, far an robh achd deanta leis an robh an crùn air a shuidheachadh air Raibeart Brus agus air a shliochd 'na dheigh. Mar chomharradh air a dheadh rùn do Niall thug an rìgh dha a phiuthar, Bain-tighearna <eng>Marjori<gai> Brus, mar mhnaoi.

(Ri leantuinn.)

A Eilean a' Phrionnsa.

FHIR-DEASACHAIDH CHOIR,—Chi mi air toiseach a MHIC-TALLA, "An ni nach cluinn mi 'n diugh cha 'n aithris mi màireach." Ach ged tha, rud a chluinneas e 'n diugh aithrisidh e màireach. Cha 'n eil math a

bhi tuireadh air a mhi-sgoinn, ach bu chòir an dolair seo a bhi agaibh leth-bhliadhna roimhe seo.

Nis, tha cuimhn' agaibh gu 'n do ghuidh "Iain" còir oirnn, 'na litir mu dheireadh 'sa MHAC-TALLA, sinn a thoirt cùnntas dhoibh air cor air càirdean-na Gaidheil anns an dùthaich seo. Cha 'n eil sin gle shoirbh a dheanamh anns a' MHAC-TALLA; ach nam biodh agamsa air cùl mo laimhe na dheanadh an gnothach, b'e mo mhiann a bhi thall 'nam measg fad bliadhna, 's cha 'n eil eadar Maol Chinntire agus Loch-na-madadh, duine aig a bheil cairdean an so, nach innsinn dhoibh umpa.

"Cha 'n eil coill gun a crianach." Ach mar shluagh, tha na Gàidheil an seo, mar a bha, mar a tha, 'sa bhitheas, anns a' h-uile linn 's anns gach cearna dheth 'n t-saoghal anns a bheil iad, measail, firinneach, onorach, 'nan aobhar uaill do 'n dùthaich agus do na daoine o'n d' thanaig iad. Sin agaibh e 'dh' aon fhacal. Tha cuid dhiu bochd 's cuid beairteach, ach docha nach e 'n dream a tha beairteach a's toilichte; "Tha smùdan fein á ceann gach fòid."

Seo an la mu dheireadh dhe 'n bhliadhna, 's cha do thuit fhathast de shneachda na chòmhdach an asbhuan. Bha an geamhradh gle bhriagha gus a nis, ach b' fhearr linne barrachd sneachda bhi againn, oir tha moran obrach 'ga dheanamh air an eilean seo 'sa gheamhradh, mar tha tarruing chonnaidh, agus a toirt moran de gach seòrsa fiodha dh' ionnsuidh mhuillean, cuid 'ga chreic, us cuid eile 'ga shàbhadh air son am feum fhéin.

Thuirt mi gu bheil cuid dhiubh bochd, ach cha mhor gu bheil duine air an dùthaich an seo gun tigh 'us fearann saor á grunn. Ach thuit prisean a h-uile seòrsa barra, seach mar a bha iad fichead bliadhn' air ais; tha sin 'nar n-aghaidh. Thuit mar an ceudna, pris nan each, air chor 's nach pàigh e bhi 'gan togail. Ach tha daoine nise cumail barrachd cruidh. Tha moran factoridhean ime 's chaise air an eilean, a tha ceannach a bhainne-ga tharraing o na geatachan. Tha e 'gam pàigheadh ni 's fhearr na bhi 'g obair leis a lonaid. Ceannaichaidh duine le dolair barrachd mor an diugh dheth na h-uile ni bhios feumail dha, (ach tombaca 'us stuth-làidir), na dheanadh e fichead bliadhn' air ais, 's mar sin cha 'n eil aobhar againn a bhi seinn "Iorram-na-truaighe."

Tha suas ri da cheud taigh anns a' sgìre seo, 's gun taigh Goill na measg ach a ceithir, agus 's i mo bheachd nach eil deichnear dhiubh 'gabhail a MHIC-TALLA. Ud! Ud! na innseadh Gall a Ghàidheal e. Cha 'n eil coire sam bith agamsa air na Gàidheil, ach an dimeas a tha pairt dhiu 'deanamh air a Ghàilig. Bu chòir gu 'm biodh iad cho dichollach 's a bha 'n t-Eirionnach a bha 'gabhail an aisig air soitheach ann a stoirm. Bha i laidhe air a taobh-mor. Chual e fear a glaodhaich: <eng>"Helm hard to lee!"<gai> 's e thuirt Padruig: "Helm na truaighe!" mur cuir thu do ghuala ris a mhaide-sa, bithidh i thairis!" Cuireamaid ar guala ris a MHAC-TALLA! Na Gàidheil a's àirde inbhe an, seo 's iad a's measaile air a Ghàilig. Tha seachdnar mhinistearan 'ga searmonachadh air an eilean.

Cha 'n urrainn mi moran coire chur air an oigridh ged nach biodh

Gàilig aca. Ach luchd nan ceann liatha, 'mablaich Beurla, gun fhios carson! Choinnich D, agus A, 's thuirt D, <eng>"Me think she'll be goin' to make water!"<gai> 's thuirt A, <eng>"U yes! the almanac she'll be say, 'big rain the morrow!'"<gai>

'S ann a thoill iad le chéile bogadh crochaidh; iadsan a' bruidhinn Beurla 's gun i idir aca. An Gàidheal a ni dimeas air a Ghàilig, cha chreid mi gu robh meas aig air a mhàthair, a thàlaidh e le ceòl binn na Gàilig. Mar a thuirt am bàrd coir:-

"A chanain ghrinn thu, bhinn-chiuil bhileanta,
A chanain uasal tha duanach, luinneagach,
A' chainnt thig suas riut, cha chual 's cha chluinnear i,
Cha 'n fhaigh 's cha d' fhuaradh air cuairt na cruinne i."

Slan leibh. Is mi ur caraid dileas,
MURCHADH CAM.
Bail' an Tobair, E. P. I.

[TD 239]

[Vol. 6. No. 30. p. 7]

Litir a Ontario.

FHIR-DEASACHAIDH,-'Se so an oidhche mu dheireadh do 'n bhliadhna 1897, agus tha gaoth a seideadh mor gum biodh cabhag mhor oirre air son an t-seann bhliadhna a sguabadh air falbh as an t-sealladh agus a cur ris an àireamh mhor a chaidh seachad anns na linntean a dh' fhalbh. 'Nuair a dh' amhairceas sinn air ais, agus a smaointicheas sinn air na chaidh seachad de bhliadhnaichean o'n thainig sinn a stigh do 'n t-saoghail so, cia lion bliadhna ùr a chunnaic moran againn a tighinn a stigh, agus 'se gnothuch cinnteach a th' ann gun deachaidh an àireamh a's mo de'r bliadhnaichean seachad. 'S iomadh cuimhne thursach, throm a bheir a bhliadhna ùr do mhoran a bha bliadhna gus a nochd gu cridheil, sunndach a deanamh furain ri càirdean dileas a thainig dhachaidh air son a bhith aig bòrd cuirme air la na bliadhna' uire, ach a nis air la na bliadhna ùr so, 's iomadh suidheachan falamh a gheibheir ann a moran de theaghlaichean. An t athair a bhiodh 'na shuidhe aig ceann a bhùird tha àite an diugh falamh. A mhàthair a bha frithealadh aig ceann eile bhùird da cloinn dleasanach, tha h-àite-se falamh mar an ceudna. Agus an uair a thig am mac no 'n nighean dhachaidh a dh' ionnsaidh an t-seann taighe, cha 'n fhaic iad e ach mar crannaibh ruisgte oir dh' fhalbh a mhuinntir a bh' air stiùir a dh' ionnsaidh na dachaidh bhuan; agus cha 'n ioghnadh e ged a their a mac no 'n nighean, "Ciod e an dachaidh gun mhàthair, gun athair innte? Cha 'n eil innte ach dachaidh fhuar, coma gu de cho math 'sa tha i."

Tha 'n t-side gu math stoirmeil o cheann seachdain air ais. Tha sneachda gu leòr againn a nis, agus cha mhor nach feud mi radh gu bheil tuilleadh 'sa chòir ann; tha h-uile duine trang a deanamh a ghnothaich fhein, agus 'se duine gle mhath air a dhoigh a theid aige

air sin a dheanamh. Tha moran a' coimhead air son dreuchd fhaotainn 'san taghadh air Di-luain s'a tighinn, ach ged a ruitheas moran 'sa réis cha 'n fhaigh ach beagan an duais.

Chunnaic mi an la roimhe gille òg, Lachuinn Mac Gilleain, mac Ailein Bhain, anns a bhaile so. Thainig e á Dakota o cheann seachdain. Bha e 'g innseadh dhomh gu 'n robh e gle eòlach air "Gilleasbuig Ruadh," a bhios a' sgrìobhadh á Dakota dh' ionnsaidh a MHIC-TALLA. Tha sinn an dòchas gu faic sinn ann an ùine gun bhi fada litir mhor o pheann Ghileasbuig choir, oir tha e gle mhath air cur an òrdugh litrichean 'sa Ghàilig.

Bha cruinneachadh mor anns an eaglais chléirich an oidhche roimhe, co-cheangailte ais an sgoil Shàbaid. Bha moran a mach, sean agus òg, agus bha oidhche gle shùndach air a cur seachad. Bha ceannard na sgoile, Domhnull Mac Mhuraich, 'sa chathair, agus 'nam biodh e air iarraidh air, rachadh aige air òraid a thoirt seachad ann an Gàilig gle mhath, ged nach eil ann ach gille òg fhathast. Chaidh leth-cheud dolair a chur cruinn an oidhche sin air son na sgoile Sàbaid. Cha d' fhuair sinn minister 'san eaglais chléirich an so fhathast; tha gu leor a tighinn air son an dearbhadh air son na dreuchd, ach cha deach aon a thaghadh fhathast.

Tha cuid de ma gillean òga, (agus sean cuideachd), a' bruidhinn air a dhol do 'n Chlondaic 'san earrach s'a tighinn. Ach 's math gach cùnnradh fad fo laimh. 'S tha iomadh sleamhnachadh eadar an cup agus am beul. Cha do dh' fhalbh iad fhathast.

O'n thoisich mi air sgrìobhadh, thainig crìoch air an t-seann bhliadhna, agus 'nuair bha mi an so leam féin, (oir chaidh cach a chadal). 's iomadh smaoin a thainig ann am cheann, 'nuair bha mi mar gum bithinn a faire na bliadhna a bàsachadh-smaointean nach urrainn duine thuigsinn ach aon a tha co-fhaireachdain aca gu de iad. Tha mi a nis a dol a sgur, a guidhe bliadhna mhath ùr do 'n MHAC-TALLA agus da luchd-leughaidh uile, agus moran diubh. Slan leat a nochd, gus an cluinn thu bhuam a rithist.

Is mi do charaid,
IAIN MAC ILLEASBUIG.
<eng>Priceville, Ont., <gai> Ian. 1, 1898.

Gruagach is Aithne Dhomh.

SEISD.
O, seinneam mo dhanag,
Do ghruagach is aithne dhomh,
Tha tàmh aig an àm so,
Air Galltachd nam machraichean.
Is geug i gun bheud, thug
Mi spéis a chionn tamull di;
Is blàth i gun fhàilinn
'Si h-àile chuir dalladh orm.

Sùilean is caomhaile,
Aodann is tlachdmhoire;
Deise is dreachmhoire,
Pearsa is maisiche;
Inntinn is turaile,
Giulan is taitniche;
'S tha tlàthas 'n a làthaireachd
Thàlaidheas m' anam rith'.

Mar bhàta gun stiuir
Bha mo chursa dol carach orm,
'N uair dhearrs orm an euchdag
Mar reul-iuil do 'n mharaiche,
No gealach mi h-oidhche
'Chur soills' air mo rathad-sa-
'S i fhein mo cheann uidhe
Na 'm b' urrainn domh amais air.

'S blàth leam mo dhuthaich,
'S mo run air bhi tathaich innt';
'S caomh leam na daoine;
Na teaghlaich 's na dachaidhean;
'S binn leam a Ghàidhlig,
'S i chànain is blasda leam;
Ach 's anns' leam an òigh
A tha 'n còmhnuidh 'n am aire-sa.

Ghuidhinn di slàinte
'Us àgh fhad 's is maireann i;
Ghuidhinn di sòlas
Gun bhròn no gun smalan oirr;
'S ma tha e an dàn domh
A gràdh gun bhi agam-sa,
Is leòir dhomh de 'n t-saoghal
I daonnan bhi rathail ann.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Òs cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math
is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's
saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY, Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 240]

[Vol. 6. No. 30. p. 8]

An Gille Beag aig Da.

LUINNEAG.

Hó ro 'ille bhig mo rùin,
'Ille bhig 'tha air mo ghlùin,
Hó ro 'ille bhig mo rùin.
Mo dhùrachd thu bhith sona dheth.

So an gille beag aig da,
Gille beag a chridhe bhlàith;
'S grian thu dhuinn a dh' oidhch' 's a là,
A toirt dhuinn slàint' is toileachaidh.

Tha thu math air dùsgadh tràth.
'S air cur lunndairean o phramh:
Ged bhios Clos! no Uist! ga 'radh,
Cha nochd thu bàigh d' am monaiseachd.

Mun dig gath o shùil na gréin'

'S mun dig ian a sheinn air géig,
Bidh tu deas gu dhol nad leum
Ri t' obair fhein gu toinisgeil.

Bheir thu chathair bheag air chluais
'Chum a bhuird gu sunndach luath;
Streapaidh tu gu treun a suas,
'S gach lamh mu 'n cuairt toirt cothrom dhuil

Cluinnidh sinn o d' bhilibh binn',
Thoir dhomh aran, thoir dhomh ìm,
Thoir dhomh bainne, thoir dhomh tì:
Cha leigear ni a dholaidh leat.

'S tu nach gearain air cion càil,
Ged bhiodh tràth againn air tràth,
Bhiodh tu deas gu dhol na 'dhàil,
Le d' sgéin, le d' spàin, 's le d' chorragan.

Tha thu tapaidh, tha thu luath,
Theid thu sios is theid thu suas,
Gheibh thu dhomh gach ni bhios bhuan,
'S cha 'n iarrar duais no moladh leat.

'S gasd' a rannsaicheas tu cùil;
Cha bhi ni nach faic do shùil,
Prine cam no bucall ùr,
'S bheir thu le sunnd mu 'r coinneamh iad!

Tha thu math air spaideadh guail
Air an teine latha fuar;
'S ged bhios beagan doch mu d' ghruaidh,
Cha chuir sin gruaim no dorran ort.

'S tric tha cur an uird gu feum;
'S grinn a bhuaileas tu leis spéic;
'S bheir thu ceol gu seolta, gleusd',
A taobhan réidh a choire leis.

'S math an ceann thu do na cait;
Bheir thu dhaibh gach ni gu pailt;
Is ma theid iad gu mi-thlachd,
Bheir thu le sgaile an conns asd'.

'S beag de 'n uail a tha dhuit dluth;
B' fhearr leat a bhith muigh le d' chù,
Am measg shliseagan is smùir
Na bhith an cùirt fir dhollarach.

Bidh tu 'm mach 'sa staigh le srann;
Greis nar sealladh, 's greis air chall,
Greis gun fhacal a do cheann.
'S greis eil' an geall air conaltradh.

Bidh tu 'gàireachdaich an dràs;
Gheibh thu leagadh 's cluinnear ràn;
An ceann tiotaidh bidh tu slàn,
'S tu dol an sas am bonnachan.

Ged nach cum thu glan do dhuirn,
T' aodach, no do bhoineid ùir
Cha doir sin thu gu mi-chliu,
Fhad 's nach bi dùrachd don' agad.

Ged nach tuig mi iad gu léir,
'S binne leam na ceol nan teud
T' fhacail bheaga, bhlasda, réidh,
'S tu 'g innse sgeil air choir-eiginn.

'S e mo ghuidh' thu dh' fhàs a suas,
Fiamh na slàint' bhith 'ghnath nad ghruaidh,
Tùr a bhith nad cheann le buaidh,
'S tu bhith nad ghluasad coimhlionta.

An àit 'ille freagraidh Iain, Uilleim, Thearlaich, Dhomhnuill,
Sheorais, no ainm goirid sam bith. An àite da freagraidh pa no ma.
Airson fonn ni. "A ho ro, mo nighean donn," no "I rinn àrin u ho ro"
an gnothach.

GLEANN-A-BHAIRD.
Ianuaraidh 8, 1898.

Tuath Dhruim-Albainn.

O có a rìgh nach seinneadh dàn,
Do àireamh eireachdail de Ghaidheil,
Is ceartas caomh ag eigheach gach là
Seinnibh fàilt' do Thuath Dhruim Albainn
Tha firinn onair agus bàigh,
Mar thrusgan àillidh orr' a ghnath,
Ged 's mor am facal e ri ràdh,
Cha'n 'eil cho sàr an Albainn.

SEISD.
Tha luaith teas ghràdh is caidridh,
Cuir fallaineachd 'nam fheòil;
Tha'n ioraslachd 'san t-siobhalt, ud,
Cuir iomhaidh thar a chorr
Ged is mor am facal 's fiòr an ràdh,
A dhinnsinn dhiubh gun sgleò,
Is mathair foghlum sìth,
Dhruim Albainn.

'Sa Chrianlarich a chunnaic mi
An Comunn Ghaidheil a's airde prìs,
Luchd a' bhreacain, 'chleachd na frithean,

Do Dhiarmaid righrean Albainn.
An Stiubhairteach a Tigh-an Duin,
Triath 'sgriobh eachdraidh mu'r dùthaich.
Le aireamh taobhte do luchd-ciuil
Cur sunnd air sluagh Dhruim Albainn.

Oighean flathail a Cill-Fhinn
A seinn ceol mor le torman binn
Gu milis tiamhaidh rian siol-Fhinn
'S cha'n eil 'shan linn 'dheibh cearb orra:
Mac Fhearchair mor le buaidhean ard
Le bhogha brisgeadh theud air clar,
A ciogal ciuil le lugh na lamh,
'S gach meur gu'm barr mil-armte.

Clan an Leisdear, gum bu dual
Fo chlogad seirc cur casg air fuadh,
Ochdarthir tha'n iuchair 's uaisle
A dh' fhuasgladh glasan teanndachd;
Am bochd 's an coigreach le cheil,
A faighinn fasnadh 's blas fo'n sgeith.
Fo itean iochd troimh ghliocas neimh
Tha iad mar reul gun samhladh.

Cha chuala cluas, 's cha luaidh le beul,
Ach beag do luach na'n laoch threun,
Mar ghne thein' os cionn nan result
Thug blas 's fìor-bheus dhaibh calmachd,
An seirc 's an caomhachd dlùth,
Co math do'n duine bochd 's do dhiùc,
Nis shruthas uisg' da thaobh a chùirn
Bi cliu aig tuath Dhruim Albainn.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,

TAILLEAR.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean, Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 241]

[Vol. 6. No. 31. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE 28 IANUARaidH, 1898. No. 31.

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

'Nuair a phòs Niall mac Chailein Mhoir piuthar an rìgh, fhuair e stiallan mora fearainn leatha. Bha fearann gu leor aig rìgh Brus aig an àm ud, oir chaill moran de na cinn-fheadhna an cuid de 'n t-saoghal 'nuair chaidh a chuis an aghaidh Bhàlioil. Bhuineadh an cuid-san fearainn do'n chrun, 's dh'fhaodadh an rìgh a thoirt do'n neach a b' àill leis. Thug e togail anabarrach do theaghlach Loch Odha gu 'n d' thainig iad gu bhì 'n dluth dhaimh ris an teaghlach rioghail. Dh' fhas iad ann an cumhachd agus ann am beartas.

Bha dithis mhac aig Sir Niall bho Mharjori Brus, Cailean Og, an t-òighre, agus Iain Caimbeul na Moulein. Bhuilich rìgh Daibhidh II. an tiodal Iarla Athol air Iain so, ach a thaobh nach d' fhàg e sliochd chaidh an tiodal bàs leis fein. An deigh bàs Marjori phòs Sir Niall ban-Chamronach, nighean Iain Lochiall, bho 'n robh mac aige d' am b' ainm Donnacha. 'S ann uaithe-san a shiòlaich na Caimbeulaich ris an cainte Cloinn Dhonnachaidh, do 'm bu duthchas Inbhar-Odha Lerago agus Southall.

Thainig SIR CAILEAN OG a stigh an àit' athar. Bha esan na oifigeach airm a bha ainmeil na latha fhéin, air son a churantais. Chaidh e null a' dh' Eirinn maille ri Eideard Brus air ceann feachd anns a bhliadhna 1316. B'e Eideard so bràthair Raibeart Brus, agus b'e mar sin Sir Cailean mac a pheathar. Chaidh Eideard Brus a null le 6,000 saighdear an duil na Sasunnaich fhuadach a mach agus e fhéin a bhi na rìgh air Eirinn. Chaidh a chrunadh an Carraig-fhearghais; ach da bhliadhna an deigh sin thuit e ann am batal ris na Sasunnaich. Fhuair Sir Cailean, mar dhuais air son a ghaisge anns a chogadh ud, coir air moran fearainn an Earraghael. An deigh bàis rìgh Raibeart an 1329, sheas Sir Cailean gu dileas taobh a mhic, rìgh Daibhidh II., nach robh ach na bhalachan beag, sia bliadhna 'dh' aois, 'nuair chaochail 'athair. Thug Eideard II., rìgh Shasuinn, ionnsuidh air Eideard Baliol a dheanamh 'na rìgh air Alba, ach sheas Sir Cailean maille ri cinn-fheadhna eile gu treun taobh an rìgh òig. Thog e 400 saighdear an Earraghael gu cuideachadh leis. Leis an Sheachd so thug e daighneach Dhunoon bho na Sasunnaich. Mar dhuais, fhuair e bho'n rìgh a bhi na uachdaran air a Chaisteal sin, agus buinidh an tìodal sin do theaghlach Earraghael gus an latha 'n diugh. Bha Sir Cailean pòsda ri Eilidh, bean-uasal de theaghlach Lenocs, bho 'n robh triuir mhac agus aon nighean aige, Gilleasbuig, an t-oighre, Sir Dughall agus Sir Iain. Tha e air a radh mar an ceudna, gu 'n robh mac diolain aige do 'm b' ainm Niall, bho 'n d' thainig Caimbeulaich Shuccoth a mach. Ghabh Dughall, an dara mac, taobh Bhalioil, agus 'se dh' éirich dha air saileabh sin gu 'n do chaill e chuid fearainn gu h-iomlan. Chaochail Sir Cailean anns a bhliadhna 1340.

Bha SIR GILLEASBUIG, mar bha 'athair dileas do rìgh Daibhidh. Chainte Gilleasbuig Mor mar ainm ris le a chinneadh fhéin. Thug an rìgh dha mar dhuais air son a dhilseachd, mirean mora fearainn de na chaill a bhràthair Dughall le bhi air taobh Bhalioil. Bha Gilleasbuig pòsda ri nighean Sir Iain Lamond. Bha dithis mhac aige, agus aon nighean, Cailean, an t-oighre, agus Donnacha Sceodainish, bho 'n d' thainig Caimbeulaich Ghlinn-faochain. Bha Eilidh, nighean Shir 'Illeasbuig, pòsda aig Iain Domhnullach, Iarla Rois, agus b'e a mac-se, Aonghas mac Iain mhic Dhomhnuill, a bu cheann-cinnidh nan Domhnullach na latha féin. An deigh bàs a ceud chompanaich phos i Iarla Lenocs bho 'n robh teaghlach mor aice. Chaochail Gilleasbuig da bhliadhna 'n deigh bàs rìgh Daibhidh, anns a bhliadhna 1372.

Thainig SIR CAILEAN, am mac bu shine, thun na h-oighreachd an àit' athar. Theirte Cailean Iongantach ris air son cho fortanach 'sa bha e anns gach ni anns an cuireadh e a làmh. Dh' fheuch muinntir Innis-Sceodainish ri cur as da, air son gu 'm faigheadh a bhràthair Donnacha an oighreachd, oir bha Donnacha air àrach 'nam measg fhéin. Chuir iad teine ri tigh anns 'n do chaidil e aon oidhche. Dhuisg teas na luithreich iarunn a bha uime e. Bha gach dorus duinte air, ach shreap e suas ris a bhalla agus fhuair e mach tre 'n tubhadh 's leum e do linne uisge a bha aig laimh. Theirear Linne-na-Luithreich ris an linne sin fathast. Chuir O'Neil, ceann-feadhna mor Eireannach, agus aig, an robh càirdeas ris na Caimbeulaich, fios gu 'n robh e dol a dh' fhaicinn Sir Cailean gu Loch Odha. Cha robh Caisteal Loch Odha mar bu mhiann le Cailean, agus 'se rud a bh' ann

gu 'n do chuir e ri theine e, mar gu 'm b' ann le tuiteamas, gus nach biodh fios aig O'Neil nach robh Caisteal ni b' fhearr na sud aig Mac Cailean Mor. 'Nuair thainig an t-uasal Eireannach thug e aoidheachd dha ann am buthan leis gach greadhnachas agus fleaghachas a b' urrainn da. Bha Sir Cailean fìor dhìleas do 'n rìgh, (Raibeart II.), agus bha mòr earbsa aig an rìgh as. Bha mòran de na fìneachan Gàidhealach aig an àm ud gu math draghail do 'n rìgh le bhì ag éiridh an ceannairc 'na aghaidh. Bha Sir Cailean 'na mhòr chòmhnadh da ann a bhì ga 'n cumail sud fo smachd. Dh' fhag sin fuath nach bu bheag am measg na fìneachan ud do Shir Cailein, agus do a shliochd 'na dheigh. Mar bu trice, anns gach tuasaid, bha na Caimbeulaich a gabhail taobh a chrun, agus mar sin bha e tachairt gu bitheanta gur e 'n taobh air an robh iad a bha buadhachadh; 's le bhì buadhachadh bha iad a' fàs ann an cumhachd, agus mar a bha an cumhachd a' fàs bha fìneachan eile a bhìodh gu tric a' cogadh riutha 'gam fuathachadh. Agus cha 'n eil teagamh anns an obair fhuilteach a bh' ann nach robh iomadh ni deante taobh air thaobh a bha fuath-thoillteannach.

(Ri leantuinn.)

A Alba.

A DHEAGH CHARAID:—'S fhad o'n bu chòir dhomh sgrìobhadh gu' r n-ionnsaidh. Cha b'e cion toil a bh' orm idir, ach 's minig a thachair do chuid a dhaoine a bhìodh air an cuir m'an cuairt gu mòr le cùisean an t-saoghail, nach b'urraìnn dhaibh gach ni bhìodh feumail dhaibh a dhianamh còmhlà. Cha'n 'eil teagamh nach e rud-eigin coltach ris a sin a dh' éirich dhòmhsa; bhìodh rud air-choir-eigin agam ri dhianamh an uair a smaointichinn air sgrìobhadh g'ar n-ionnsaidh; 'se sin a chuir dail cho fad ann. Tha mi 'n dòchas gu'n gabh sibh mo leisgeul. 'S còr dhuinn a bhì 'n comain MHIC-TALLA air son cho dìleas agus cho seasrach sa tha e air son a Ghàidhlig a chumail suas. Tha e coltach gu'm biodh meas aig gach fìor Ghàidheal air cainnt a mhathar agus a dhùthcha, agus gun dianadh e h-uile h-oidhirp a b'urraìnn dha air son a cumail an cleachdadh. Tha e 'na aobhar toìlichidh agus na thoil-ìntinn do gach duine, gu leughadh e càinain

(Air a leantuinn air taobh 244.)

[TD 242]

[Vol. 6. No. 31. p. 2]

Soirbheachadh agus Malairt Chanada.

Tha tuathanaich na dùthcha an ear 's an iar gle thoilichte gu robh iad co-fabharach an uiridh leis gach ìm 'us caise 'rinn iad. Tha daoine foghlumte 'dol air feadh na dùthcha 's ag innseadh cia mar is fhearr a's urraìnn do na tuathanaich ìm 'us caise 'dheanamh, a bhìtheas taitneach do na Breatunnaich, agus a gheibh pris mhòr,

mhaith ann am margadh leathunn an t-saoghail. Ged tha iad deigheil air a bhi 'deanamh gearain 'us monmhuir, tha iad lan de dhochas 'us de dhealas aig toiseach na bliadhna so, oir tha iad cinnteach gu faigh iad cuibhrionn ni 's modha na fhuair iad riamh de 'n ìm 'us de 'n chaise 'tha air an cur gu feum ann an Sasunn agus ann an Albainn. Tha air an aobhar so, tuathanaich Chanada 'toirt aire ghasda do na ba Gallda anns a' gheamhradh, agus mar so 'nuair thig an t-earrach agus an ionaltradh ur, milis, bheir na ba seachad moran bainne brioghmhor, fallain, agus theid ìm glan, milis, agus caise laidir, blasda 'ghiulan thar a chuain air doigh ni 's fhearr, agus ann am meud a's modha na thachair riamh roimhe.

Is maith a tha fios agam gu bheil maraichean lamhach, eolach Nobha Scotia agus nan roinnean eile 'tha ri taobh na fairge 'deanamh seirbhis mhaith agus tharbhach do na Staidean anns gach samhradh. Is tric a chuir mi eolas ann an acarsaid Phortland, air ceatharnaich ghasda Ghaidhealach a bhuineadh do Chanada, 's a bha 'faotainn tuarasdail airson an seirbheis 's an seoladaireachd bho na Staidean. Tha feum aig Canada 's aig Breatunn air sgil, 'us neart, 'us gaisge, 's cruadal gach seoladair a bhuineas do Nobha Scotia, do Bhrunsbhic Nuadh 'us do Eilean a' Phrionnsa maille ris an Fhearainn ùr a Fhuaradh, <eng>(Newfoundland).<gai> Tha amharus laidir agam gu bheil na daoine 'chaidh suas gu Bagh Hudson anns an t-samhradh, a' dol a thabhairt sgeula maith, fabharach do luchd-riaghlaidh na duthcha ann an Ottaba. Tha dearbhadh nach eil fann no faoin air a nochdadh gu bheil e comasach seoladh a dheanamh agus malairt a ghiulan a mach 's a stigh do Bhagh Hudson re ceithir no cuig de mhiosan anns a' bliadhna. Tha 'm bagh ud lom-lan de gach seorsa eisg 'us mucan mara. Buinidh am bagh gu h-iomlan do Chanada. Thainig an t-àm a nis, gu cinnteach, anns an coir dhuinn gach fine eile 'chumail a mach as a' bhagh agus cothrom ceart a thabhairt do na h-iasgairean tapaidh, aghartach againn fein anns na roinnean a tha ri taobh a' chuain luasganaich, air gach iasg 'us beartas de 'n t-seorsa so, 'fhaotainn agus a mhealtuinn. Le gliocas sonruichte, le eolas gle phongail, 'us le aghartas a tha airidh air cliu 's moladh, tha daoine comasach ann an Toronto 'nis iarrtuis each air rathad-iaruinn a thogail a h-uile ceum gu Bagh Sheumais a tha air taobh deas Bagh Hudson agus a tha dluth-cheangailte ris a bhagh so aig am bheil farsuingeachd cuain. Tha mi fein gle dhochasach gu bi ann an uine nach eil fad air falbh, Bagh Sheumais agus Bagh Hudson mar an ceudna, air an nasgadh gu dluth 'us gu daingean ri cridhe Ontario. O 'n fhuair na Breatunnaich sealbh air tus air Canada, cha robh àm no bliadhna ann co surdail, gaisgeil, eolach, cruadalach, treibhdhireach airson ceartas a dheanamh do gach tir, 'us maoin, 'us storas, 'us clachan luachmhor a bhuineas duinn; agus airson lamh laidir, thapaidh, dhichiollach, neartmhor a chur air gach cearna 's air gach ionmhas air uachdar an talamh, no fo 'n talamh, bho 'n airde tuath gu ruig an t-airde deas, bho 'n chuan a tha do ghnath a' togail nuallain tiamhaidh, aig Sidni, gu ruig an cuain a tha le samchair iongantach a' togail a tonnan eadar America 's <eng>Asia.<gai>

Tha pris gu mor ni 's modhna r'a fhaotainn am bliadhna air cruithneachd earraich 'us geamhraidh na fhuaradh bho cheann bliadhna no dha. Tha aobhar againn a bhi creidsinn gu mair a phris mhaith so;

agus mar so, gu bi gliocas air a nochdadh leis na tuathanaich ann an Canada, ma ni iad oidheirp air tuilleadh cruithneachd a chur, agus a bhuain ann am miosan beartach buidhe 'n fhogharaidh. Tha sinn a' cluinnteach iomraidh a nis, gach seachduinn, gu bheil òr luachmhor air fhaotainn ann an cearna ur de 'n duthaich mhor bheartach, àillidh anns am bheil sinn a' tuineachadh Agus iongantas nan iongantas, tha dearbhadh againn aig an àm so fein, oir tha daoine foghlumte ann an cuisean diomhair na talmhainn ag innseadh duinn gu bheil òr r'a fhaotainn ann an Labrador. Feumaidh mise aideachadh nach fhacadh mi riamh aite no tir co bochd, fuar, neo-thorach ri Labrador. Ged nach eil feur no fochainn, lus no craobh ri fhaicinn air uchd Labradair, tha e cosmhuil,—agus tha dochas laidir againn gu bheil an teachdaireachd gle fhior,—gu bheil ionmhasan anabarrach agus morail air am folach fo chreagan, 'us chnoic, 'us ghlinn Labradair. Cha ghabhainn—sa idir iongantas ged rachadh MAC-TALLA fein a' chladhach an oir ann an Labrador, mur bi Gaidheil Chanada fìor-chairdeil ris agus fìor fhaoilidh mar an ceudna; am feadh a tha e 'deanamh a chulaidh—mhaitheis air e fein a sgeadachadh gu riomhach, grinn, agus air Gàidhlig bhriagh, ealanta, shnasmhor a sgriobhadh airson eolais 'us buannachd a bhuileachadh air gach Gaidheal anns an duthaich. Cha 'n eil ceann no crìoch air an òr ann an Claondaic. Bithidh rathaidean air an deanamh ann an uine ghearr a dh' ionnsuidh na h-oisne ud a tha fad air falbh ann an Iar-thuath Chanada. Bithidh feum daonnan aig na daoine 'tha 'cladhach an oir ann an Claondaic; aig an amhainn fhrasach, ann am Michipicotan, agus ann an Labrador, air flur 'us aran, air ìm 'us caise, air iasg 'us sgadan, air mart-fheoil 'us muilt-fheoil. Bithidh againn margadh mor, maith 'n ar duthaich fein airson cuibhrionn laidir de gach coirce, 's eorna, 's cruithneachd a thogas sinn, 'us de gach damh 'us caora, 'us muc reamhar a bhitheas againn ri sheachnadh.

CONA.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. V.

An uair a chunnaic sinn iad a' tighinn air bord, chlisg na cridheachan againn leis an eagal. Cha bu dana leinn sinn fhein a dhion, no facal a radh riutha gu bacadh a chur orra. Thug iad a nuas na siuil, ghearr iad an cabla, agus tharruinn iad an long gu tir. Thug iad oirnn falbh as an luing. 'Na dheigh sin thug iad an long gu eilean eile, far an robh iad a' fuireach.

Tha luchd falbh na mara a' seachnadh an eilean do'n d'thug iad sinn, do bhrìgh nach 'eil e sabhailte dhaibh a dhol ann, mar a thuigeas sibh o na bheil agam ri innseadh dhuibh; ach b' eigin duinn cur suas leis gach ni a thainig 'nar rathad gu foighidneach.

Chaidh sinn air feadh an eilean far an d' fhuair sinn measan a bha 'g ar cumail beo. Ach thug sinn nach robh romhainn ach am bas. Mar a

bha sinn a coiseachd air ar n-aghaidh, chunnaic sinn aitreabh mhor fada uainn, agus rinn sinn dìreach oirre. An uair a rainig sinn i, chunnaic sinn gur e luchairt mhor a bh' ann. Bha i gle ard agus air a deadh thogail. Bha comhlachan a' gheata de dh' eboni. An uair a rainig sinn an geata, dh' fhosgail sinn e, agus chaidh sinn a steach. Ghabh sinn air ar n-aghart gus an d' rainig sinn cuirt mhor fharsuinn anns am faca sinn torr mor de chnamhan dhaoine, agus torr de bhioran rosta. Chaidh sinn air chrith leis an eagal an uair a chunnaic sinn an sealladh so. O'n a bha sinn gu tuiteam bhar ar casan leis an sgios, shuidh sinn far an robh sinn gun ghluasad gun charachadh.

Bha 'ghrian air a dhol fodha anns an am, agus am feadh 's a bha sinn anns an t-suidheachadh mhuladach a dh' ainmich mi, chuala sinn a bhith fosgladh dorus na cuirte le fuaim uamhasaich, agus thainig duine dubh am mach a bha cheart cho ard ri craoibh phailme. Cha robh air ach an aon suil. Bha i an clar an aodainn aige, agus bha i coltach ri meall teine. Bha claragan mora, fada, geura 'nan stuib am mach as a' chairean aige. Bha beul air coltach ri beul eich. Bha a lip iochdair cho mor 's gu'n robh i a' tuiteam sìos air a' bhròllach aig; agus bha cluasan air cho mor ri cluasan elefant, agus bha iad' nan laidhe air na guaillean aige. Agus bha inean mora, fada, croma air mar gu'm biodh spuir iolaire. An uair a chunnaic sinn e, cha mhor nach deachaidh an t-anam asainn leis an eagal. Bha sinn greis mhath 's gun fhios againn co dhuibh a bha sinn beo no marbh.

An uair a thainig ar mothachadh ugainn, chunnaic sinn e 'na shuidhe anns an dorus, agus e 'g amharc oirnn. An uair a bha e greis a beachdachadh oirnn ghabh e far an robh sinn, agus rug e ormsa air chul amhaich mar gu'm beireadh feoladair air ceann caorach. An uair a sheall e gu math orm agus a chunnaic e gu'n robh mi anabarrach

[TD 243]

[Vol. 6. No. 31. p. 3]

caol, leig e as mi. Rug e air fear an deigh fir de chach, agus sheall e orra anns a' cheart dhoigh. Agus o'n a b'e an sgiobair am fear bu raimhre a bha 'nar measg, rug e air anns an dara laimh, agus stob e am bior-rosta ann leis an laimh eile; agus an uair a bheothaich e an teine gu math, rost e e, agus dh'ith e e gu shuipeir. An uair a ghabh e 'shuipear, chaidil e anns an dorus, agus bha srann aige mar gu'm biodh tairneanach. Chaidil e gu trom gus an do shoilleirich an latha. Air ar son-ne dheth, cha robh e an comas dhuinn tamh no cadal fhaotinn; oir bha na cridheachan againn air chrith leis an eagal. An uair a thainig an latha, dhuisc e, agus chaidh e 'mach as an luchairt.

An uair a shaoil sinn gu'n robh e astar math air falbh, thoisich sinn ri gearain 's ri caoidh air a leithid de dhoigh 's gu'n cluinnteadh astar math air falbh sinn. Ged a bha aireamh mhor dhinn ann, agus ged nach robh againn ach aon namhaid, cha do smaoinich sinn an toiseach air doigh sam bith leis am feuchamaid ri chur gu

bas. Ged a bha fios againn gur e chur gu bas an aon doigh air am faigheamaid as a lamhan, cha robh fhios againn ciod an doigh a ghabhamaid.

Ged a smaoinich sinn air iomadh doigh anns an gabhadh e cur gu bas, cha do shuidhich sinn gu'n gabhamaid doigh shonraichte sam bith. Ach chuir sinn romhainn gu'n cuireamaid suas le cuisean car uine mar a bha iad gus am faiceadh Dia iomchuidh fuasgladh a thoirt dhuinn. Chaidh sinn air feadh an eilean a chruinneachadh mheasan is luibhean gus sinn fhein a chumail beo. An uair a thainig am feasgar, dh' fheuch sinn ri aite fhaotainn anns an cuireamaid seachad an oidhche; ach dh' fhairlich oirnn aite freagarrach sam bith fhaotainn. Air an aobhar sin b' eiginn duinn, olc air mhath leinn, tilleadh do'n luchairt far an robh sinn an oidhche roimhe sid.

An uair a thainig am feasgar, thill am famhair air ais, agus rost e fear dhinn air son a shuipeireach mar a rinn e an oidhche roimhe sid. 'N a dheigh sinn chaidil e gus an robh an latha ann, agus an uair a dhuisc e, chaidh e 'mach mar a b' abhaist dha.

Bha ar suidheachadh cho eagalach 's gu'n robh iomadh fear dhinn a' smaoiniachadh e fhein a thilgeadh am mach air a' mhuir, a roghainn air a' bhas a bha 'feitheamh oirnn. Agus bha 'n fheadhainn a bha deonach so a dheanamh a' comhairleachadh do chach crìoch a chur air am beatha anns a' cheart dhoigh. An uair a bha iad a' bruidhinn air so a dheanamh, thuirt fear dhe 'n chuideachd, gu'n robh e air a thoirmeasg do dhaoine am beatha fhein a thoirt air falbh; agus eadhon ged a bhiodh e ceadaichte dhaibh, gur e feuchainn ri beatha 'chreutair uamhasaich a bha 'g an rostadh 's 'g an itheadh a thoirt air falbh moran bu ghlice 's bu reusanta dhaibh.

Smaoinich mise air doigh leis am feuchamaid ri chur gu bas. An uair a dh' innis mi dhaibh an ni a bha 'nam bheachd, chuir iad uile an aonta ris.

"A bhraithrean," arsa mise, "tha fhios agaibh gu'm bheil moran fiodha mu'n cuairt a' chladaich. Ma ghabas sibh mo chomhairle—sa ni sinn rathan air an fhiodh; agus an uair a bhios iad deiseil, fagaidh sinn air a' chladach iad gus an tig am anns an cuir sinn feum orra. Gun dail sam bith feuchaidh sinn ri cur as do 'n fhamhair. Ma theid an gnothach leinn, faodaidh sinn fantainn gu foghidneach anns an eilean car uine, gun fhios nach tigeadh long faisge air an eilean a bheir air falbh sinn. Ach mur teid againn air cur as do 'n fhamhair, theid sinn cho luath 's is urrainn duinn thun nan rathan, agus bheir sinn an cuan oirnn. Tha mi 'g aideachadh gu'm bheil sinn a' cur ar beatha ann an cunnart mor, ma dh' fhalbhas sinn air na rathan; ach is fhearr dhuinn gu mor a bhith air ar bathadh anns a' chuan na bhith air ar rostadh 's air ar n-itheadh leis an uile—bhéist ud, a dh' ith dithis dhinn mar tha." Chord mo chomhairle riutha, agus rinn sinn rathan beaga a chumadh triuir an uachdar.

Thill sinn feasgar do 'n luchairt, agus an uine gun bhith fada thainig am famhair. Dh' ith e fear eile dhe ar companaich. An ceann tiotaidh leig e e-fhein 'na shineadh, agus chaidil e. Cho luath 's a

chuala sinn srann aige, ghabh naoinear eile agus mi-fhein bior-rosta am fear, agus an uair a rinn sinn dearg anns an teine iad, chuir sinn comhladh 'na shuil iad, agus dhall sinn e. Thug an cradh air a 'bhith 'glaodhaich gu h-eagalach. Ghrad dh' eirich e, agus thoisich ri sineadh a lamhan feuch am faigheadh e greim air fear dhinn, a chum dioghaltas a dheanamh oirnn. Ach theich sinn do chuiltean arms nach fhaigheadh e sinn. An deigh dha bhith greis mhath a' feuchinn am faigheadh e greim oirnn, rinn e air eiginn am mach an geata, agus dh' fhalbh e, agus glaodh eagalach 'na cheann.

Beagan uine an deigh dhasan a dhol am mach, dh' fhalbh sinne as an luchairt, agus thug sinn an cladach oirnn, far an d' fhag sinn na rathan, agus chuir sinn air bhog iad. Dh' fheith sinn gus an d' thainig an latha gun fhalbh air na rathan feuch am faicemaid an tigeadh am famhair a dhall sinn, no fear eile dhe' sheorsa an rathad a bha sinn. Ach bha dochas againn mur tigeadh e mu eirigh na greine, agus gu'n sguireamaid a bhith' cluinntinn a ghlaodhaich, gu'm faigheadh e bas. Na'n tachradh dha am bas fhaotainn, bha sinn suidhichte gu'm fanamaid air an eilean, agus nach cuireamaid ar beatha ann an cunnart le falbh air na rathan. Ach mu 'n gann a shoilleirich an latha, chunnaic sinn a tighinn e, agus dithis eile a cheart cho mor ris fhein 'ga threorachadh, agus moran eile dhe sheorsa 'tighinn 'na dheigh le ceum gle chabhagach.

An uair a chunnaic sinn so, dh'fhalbh sinn o thir air na rathan cho cabhagach 's a b' urrainn duinn. An uair a chunnaic na famhairean sinn, rnith iad thun a' chladaich, thog iad ultach de chlachan a' chladaich, agus an uair a ghrunnaich iad am mach air a' mhuir cho fad 's a b' urrainn daibh, thoisich iad ri tilgeadh nan clach oirnn. Leis cho cuimiseach 's a bha iad a' tilgeadh nan clach, chuir iad a h-uile aon dhe na rathan as a cheile ach an rath air an robh mise agus mo dhithis chompanach. Bhathadh a h-uile duine ach sinn fhein 'n ar triuir.

(Ri leantuinn.)

Comunn an Fheilidh.

AONGHAS 'SA <eng>"HIGHLAND NEWS."<gai>

Tha eagal orm gur e 'n t-ainm no 'n ceann teagaisg, a chuid a's fheàrr de'n òraid so-gu 'm bi i car coltach ris an t-soillsean, a bhios gu minic air a chrochadh air taobh a mach do dh' aithribh shealladh iongantais, airson luchd-amhairc a thàlamh gun an annas a chasg, 'n uair a rachadh iad do thaobh stigh bhallachan a ghreadhnachais.

Is barail dhomh gu bheil mi aig an àm cheudna mar a's ghnath do'n churucaig, 'n uair a bhios neach a tighinn ro fhaisg air a nead-a tha lomnochd ri aghaidh an adhair-éirigh i suas air dhòigh 's gu 'n saoilleadh am fear-coimhid gur h-ann 's an ionad ud a bha na h-uibhean na'n laidhe.

Thug <eng>“Lord Chesterfield”<gai> ann an litreachas ro fhòghlumaichte lagh-nam-beus, no deas-ghnàth-a réir a bheachd-sand’a mhac. Mar a bha Morair mòr ud a reusonachadh, bha mhac ri e fhéin a ghiùlan, cha ’n ann air sgàth deadh-thoillteanas, ach mar a b’fheàrr a bhuineagadh e ard-mholadh ’us taitneas an t-saoghail. Ach cha ’n ’eil sùil agamsa gu ruig mi’n àird ud ann a ’m beachd mo luchd-leughaidh gu’n ghuth air an t-saoghal. ’S mar sin cha’n ’eil mi ag agairt sguaban bearraidh an tiolpadair airson leudachadh ’m fhein-bheachd, no di-moladh luchd gearain no idir saighdean searbh a bogh-tarsuinn fear na dealbh-inntinn, na ’s mò na tha mi ’n geall air min-rannsachadh a chronadair-sgaitich. Faodaidh mi bhi cinnteach gu ’n tig mi tuilleadh mòr agus geàrr air lan-dhioladh thoirt do ’n chuspair so, ach cha ’n ’eil àrach agam air—“Cha dean an duine dona ach a dhiochall, ’s cha mhò na sin a ni mise.” Mar sin ’se ’n leisgeul a’s fheàrr a th’ agam gabhail air aghairt mar a bha ’n té, bha ’g ionnsachadh dannsa Mhic Comaraid-gu leòir a chur as mo deighain dheth. Ach feumadh mi ur cur n’ ur faireachadh gu ’m bi cuid do na gheabh sibh righinn ’us cho doirbh a chnàmh ri uile-bheist-nan-ioma-cheann, no seann nathair-uisge. Agus ged nach bi ’m oraid cho buan ri cuirp spiosraichte na h-Eiphit, tha mi ’n dòchas co-dhiubh, nach tuit mo bhriathran gu h-iomlan air feithean-mothaichheadh an leubhadair, gun bheachd duthchasach ùr a ghluasad na inntinn agus a tàladh th’air leam, le deas-bhaigh do dh’ “Eilean-a’-Cheò.” Agus a measg na moran a their mi, bhios mi-fhreagarrach,

(Air a leatuinn air taobh 246.)

[TD 244]

[Vol. 6. No. 31. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha ’phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand ’s an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. ’sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g’ ar ’n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d’ an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher ‘Mac-Talla,’
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 28 IANUARAI DH 1898.

(Air a leantuinn o thaobh 240.)

a dhùthcha, “Cainnt bhinn cheòlmhor nan Gaidheal.” Cha ruig na Sasunnaich a leas ceann-sios sa bith a bhi aca oirre, no bhi 'g radha nach robh brìgh 'sa bith aice; 's cha ruig iad a leas a bhi cuir uaill as na càinain fhéin, chionn cha'n eil innt ach colomadh do chanainean eile, nach eil faisge cho aosda ris a Ghàidhlig.

Bidh e iomchuidh dhomh nis bruidhinn air ni-eigin eile. Mar tha fios aghaibh cheana, bha'n t-Earrach s'a chaidh agus toiseach an t-samhraidh cho doirbh le uisge 's le gaoith, 's nach do rinn na tuathanaich urad de churachd 'sa b' àbhaist dhabh, ach cha 'n eil aobhar ghearain ac' air a shon sin; fhuair iad sìde gle thioram briagha fad deireadh an t-samhraidh agus toiseach an fhoghair. Bha 'm bàrr miadhanach math agus ged nach robh urad aig na tuathanaich de bhàrr 'san talamh 'sa b' àbhaist dhaibh bha'n toradh gle mhath 's na bh' aca dheth. Tha 'm buntàt cus na's fhearr am bliadhna na bha e'n uiridh; chum e chuisseag gorm gu àm nàdurra. Tha mi cluinntinn gu bheil an grodadh a' tigh'n ann aig cuid a dh'fheodhain o'n a thainig an geamhradh, agus gu dearbha cha'n 'eil sin a còrdadh rinn, e bhi grodadh cho tràth.

Bha'n t-iasgach fad air ais am bliadhna air a chosta an ear agus an lochan a chosta 'n iar mar an cianda; 'se corra fheodhainn a rinn iasgach math. Bha iasgach nan giomach gle mhath a's t-samhradh, agus cha robh iasgach nan langan an deigh laimh cuideachd. Tha h-uile gin dhe na h-iasgairean air tigh'n dhachaidh o iasgach an sgadain anns na lochan o nach robh tuar air e thigh'n na b' fheàrr; tha iad a' smaointeachadh gu'm bi e nas fhearr an ath bhliadhna. Ged a bha iasgach a' sgadain gann bha 'n saoidhean gle phailt, agus tha iad a faotainn beagan dhe'n trosg cuideachd.

Tha 'n t'side fuathsach dom bi againn o chionn ùine mhor; cha chuimhneach le daoine deireadh foghair no toiseach geamhraidh riamh cho fiadhaich no cho fiuch 'sa bha e'm bliadhna. Bha stoirm mhor againn air a chiad sheachdain dhe'n dùltachd, nach d' thàinig a leithid o chionn bhliadhnaichean; mhair i da latha agus da oidhche; 'sann air an treas latha a chaidh i air a h-ais gu fortanach cha deacha call sam bith a dhianamh leatha air taigh na air eathar, chionn bha iad air an cur an òrdan fo chomhair a gheamhraidh.

Cha'n fhaod mi dichuimhne a dhianamh air innse, am meas a thug muinntir an àite so air la Iubilidh dhaoimean na Banrigh'nn (22 chiuine). Cha mhor gu robh taigh na cnoc nach robh bratach ri fhaicinn air agus 'n uair a thàinig am feasgar bha h-uile fear agus craoslach mòr do theine aighir aige air a' mhullach a b' àirde dhe'n fhearann aige fhein. Ma's e na bàtaichean-iasgich fhéin bha na brataichean aca an crochadh ri bàrr nan crann 's ri ceann nan slatan. Be'n toil-inntiun a bhi coimhead a h-uile làn-aighir 's cridhealeas a bha dol air adhart an la ud. Tha sinn toilichte gu'n deach gach nì air aghaidh le sìth 's le rèite.

Bha prìsean na spreidh gle iosal againn o thoiseach an fhoghair s'a chaidh, ach tha flùr gu math daor againn o chionn còrr us bliadhna. Tha sinn an dòchas gun èirich prìs na spreidh agus gun tuit prìs a fhluir an ùine gun a bhi fada, air neo, mar a bi sin mar sin, bidh an gnothach gle throm air daoine bochda aig a bheil teaghlaichean laga, agus aig nach eil cuideachadh sam bith gus an cumail suas, ach fhad 'sa bhios daoine nan slàinte agus cothrom an cosnadh aca, 'se rud a's fheàrr sam bith.

Ann an deireadh an t-samhraidh so chaidh, chaich <eng>steamer<gai> mhor bhriagha dha'm b'ainm <eng>Maple Branch of Sunderland<gai> air tir, air Sgeir Lìnis dluth air Sanndraigh. Bha i 'n deigh a caragu a chuir a mach an Glasachu, s i air a turus dhachaidh an uair a chaidh i air tir. Gu fortanach ged a bha'n oidhche ann, bha 'n fhairge ciùin, agus leis a sin fhuair a sgiobair a bhean 'sa chlann a chuir air tir gun eagal sam bith. Bha iad ann a Sanndraigh fad còrr 's seachdain gus an d' fhuair iad cothrom air dhol tarsuinn do Bhagh a Chaisteil. Reiceadh an <eng>wreck<gai> air son gle bheag do dh'airigiod, agus bha iad ag radha, gun d' thug am fear a cheannaich i profaid mhath aisde, ach gu mi-fhorstanach dhaibh, m'an d'fhuair iad gach ni air an ruigeadh iad a thoirt aisde, thainig stoirm 's fairge a bhrìst na de leth i, agus a thilg far na sgeir i, 's chaidh i fodha. O'n a bha'n t-sìde doirbh agus an t-àite fiadhaich, cha d'fhu air an <eng>diver<gai> obrachadh air chòir, agus leis a sin, cha d'fhuair am mionach a thoirt aisde air fad fhathast. Tha iad a' smaointin gu fiach iad fhathast 'nuair a thig sìde mhath a's t-Earrach agus gun tog iad an còrr a dh'fhàg iad. Tha e nis an deigh falbh agus a soitheach beag smùide aige luchdaichte leis gach seorsa a thug iad aisde. Anns na seann timeannan bha soithichean 'gan bristadh air na cladaichean so, ach an dràs le taigh-soluis air gob gach rudha 's a tha 'ga stiuireadh 's gan cumail an òrdan, cha 'n eil na h-uraid a dol an taisairt dhiubh. 'S cha bu lugha na sin a bha dh'ìoghnadh air daoine, an t-àite on d' thanig i, ach gu robh iad ag radha gur e n ceo a chuir ann i. Bi mi sgur dha 'm sheanachas aig an àm so. Tha mi 'n dòchas gu'm bi Nollaig shona agus bliadhna ùr mhath aig luchd leughaidh MHIC-TALLA air fad; a'guidhe saoghal fada agus soirbheachadh math gu MAC-TALLA. 'S mi do charaid dìleas,

R. O. M.

Miunglaidh, Barra, 19, 12, 97.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an am cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.

Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgriobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadhe, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa.
'GAN CREIC SAOR.

[TD 245]

[Vol. 6. No. 31. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha sinn an dòchas nach dean thu dearmad air MAC-TALLA. Na cum a chuid fhéin uaithe air son ma chunnaic tha riamh.

Thainig soitheach-seòlaidh air tìr faisg air Digby air an t-seachdain s'a chaidh. Cha robh duine air bòrd; bha an sgioba uile air am bathadh. Bha an soitheach air a turus do Bhoston le luchd fiodha.

Loisg gillt òg, Granddach, air seann duine d'an ainm Alasdair Friseal, ann an Thorburn, am Pictou, a sheachdain gus an diugh, 'ga leònadh cho dona 's nach eil fhios am bì e beò. Bha aimhreit eadar an da theaghlach o chionn fhada, agus bha 'n dithis a' trod 'nuair a chaidh an urchair a losgadh.

Chaidh boirionnach òg, nighean do Iain Mac Aonghais, anns a Mhéinn a Tuath, a losgadh gu dona oidhche Di-mairt air an t-seachdain s'a chaidh. Bha i 'na sineadh air langasaid faisg air an teine, agus chaidh sradag 'na h-aodach: ghabh e agus mu 'n d'fhuireadh a chur as bha 'n nighean bhochd air a losgadh cho dona 's gu bheil eagal gum caill i a beatha.

Chaochail Innseanach d'am b'ainm Tearlach Mashehewawedong, ann an Saugeen, an Ontario a sheachdain gus a' bhòn-de, 'se ceud bliadhna 'sa sia a dh'aois. Chog e air taobh nam Breatunach fo 'n cheann-feadhna ainmeil Tecumseh ann an cogadh na bliadhna 1812, agus bha e air Mullaichean Queenstown 'nuair a chaidh <eng>Sir Isaac Brock<gai> a mharbhadh.

Thainig bàs gle aithghearr air fear Morris Frazee faisg air <eng>Acadia Mines, N. S., <gai> Di-luain s'a chaidh. Bha e fhéin agus daoine eile anns a choille, a' cur logaichean air sleighe. Chaidh esan fhàgail leis fhéin car tacam, agus 'nuair a thill càch far an robh e, fhuair iad e 'na shineadh 'san t-sneachda agus e maibh. Rinn na dotairean a mach gu'm b'e tinneas a' chridhe a dh' aobharaich a bhàs.

Tha paipear-naigheachd ann an Sina a tha còrr us mìle bliadhna dh'aois. Re na h-ùine sin chaidh na cinn a chur bhar còrr us naodh ceud deug de'n luchd-deasachaidh! 'S math an gnothuch nach eil e 'n comas rìgh no breitheamh na cinn a chur bhar luchd-deasachaidh nam paipearan 'san latha 'n diugh, ach bhiodh e na ni ro-fheumail 'san dùthaich so lagh a dheanamh air son na cinn a chur dhiubh-san nach eil a' paigheadh nam paipearan, gu seachd sònruichte iadsan nach eil a' paigheadh MHIC-TALLA.

Tha Comhairle na Siorrachd, a bha cruinn anns a bhaile so o chionn còrr us da sheachdain, a nise air sgaoileadh. Dh'aontaich' iad an la roimhe cuideachd an iarunn a shaoradh o chisean nan cuireadh iad na h-obraichean air adhart ann an Sidni. Rinneadh so a chionn gu'n do mheas an àireamh bu mhotha de na comhairlichean gu'm biodh na h-obraichean gu barrachd feuma do'n t-siorrachd air fad le iad a 'bhi ann an Sidni Thugadh cead do mhuinntir Louisburg na tairgsean a chitheadh iad fhéin iomchuidh a thoirt do'n chuideachd.

Cha deacha chrochadh ach dithis bhoirionnach ann an Canada o'n bhliadhna 1867. Bha naodhnar air am faotainn ciontach 's air an diteadh gu bàs anns an ùine sin, ach fhuair seachdnar dhiubh as le tigh-obrach ri 'm beo. Chaidh binn crochaidh a thoirt a mach air <eng>Mrs. Sternaman<gai>, ann an Cayuga, an Ontario o chionn ghoirid air son a fear-pòsda a phuinneanachadh, ach tha i gu bhi air a feuchainn fhathast; thatar ag radh gu robh i cho bochd 's nach b'urrainn dhi fear-lagha fhasdadh, agus mar sin gu'n deach an càs 'na h-aghaidh. Tha i ag radh gu bheil fianuisean aice a dhearbhas gu bheil i neochiontach, agus ma tha cha'n eil an lagh a' dol 'ga diteadh.

Bha droch stoirm-shneachda ann toiseach na seachdain so. Bha [?] mor ann agus tha na ròidean air feadh na dùthcha lan chitheachan, agus gu math oirbh an siubhal.

Tha a' Mheinn a Tuath gu bhi 'g obair fad a' gheamhraidh, ni a tha gle fhàbharrach do'n mhuinntir a tha deanamh am beòlaid innte. Nach bochd an gnothuch nach eil na méinnean eile ag obair cuideachd.

Thatar a' cur tagradh dh'ionnsaidh an Ard-Riaghladair air son e leigeadh a bheatha le Lyman Dartt, a tha fo bhinn crochaidh. Cha'n eil teagamh nach deanar sin, oir tha daoine dhe'n bharrail nach robh am beachd an òganaich cron sam bith a dheanamh.

Dh' fhosgladh pàrlamaid Nobha Scotia Dior-daoin leis a' ghreadhnachas is àbhaisteach a bhi cleachdadh. Bha 'n òraid o'n Rìgh-chathair gu math fada, ach cha'n eil fìor mhoran air a

ghealltuinn innte. 'Se 's docha nach bi a phàrlamaid 'na suidhe ach ùine ghoirid.

Tha an Seanalair Booth, ard-cheannard "Armailt na Slàint" ann an Canada an dràsda. Bha e ann am <eng>Montreal<gai> 's ann a' <eng>Halifax<gai>, far 'n do labhair e ri cruinneachadh mor sluaigh. Tha e 'na sheann duine, ach ged a tha'n aois a' laidhe gu math air tha e fhathast gle thapaidh.

Bha teaghlach ann an <eng>Cornwallis, N. S.,<gai> d' am b' ainm Chute, agus ghabh a h-uile duine dhiubh o chionn ghoirid fiabhros. Chaochail an t-athair agus triuir dhe'n chloinn; tha a' mhàthair agus a chuid eile dhe'n chioinn (naodhnar) air a dhol am feobhas. Bha an teaghlach fad treis a dh' ùine ann am fios dhroch shuidheachadh.

Chaidh seann duine d' am ainm Edmund Edwards a chur dh'an phrìosan ann an <eng>Dartmouth, N. S.,<gai> a chionn nach b' urrainn dha a chuid cloinne a chur dh'an sgoil le cion an aodaich. Chaidh a thoirt gu cùirt air son nach robh a chlann a' dol dh'an sgoil, agus chaidh càin coig dolair a chur air; cha robh aige 'na phàigheadh a' chàin agus chuireadh do'n phrìosan e. An deigh a chur an sin fhuair e a mach gu'm b'e cion an aodaich a bha cumail na cloinne as an sgoil. Tha an duine bochd tri fichead bliadhna 'sa deich a dh'aois, agus tha ochdanr chloinne aige. Tha moran truais air a nochdach ris o'n fhuair e a mach a chor muladach, agus tha e gu bhi air a leigeadh m'a sgaoil. Tha e gle cheart gu'm biodh sgoil air a thoirt do'n chloinn a tha fàs suas, ach bu chòir a bhi gle fhaicilleach ann a bhi toirt phàrantan gu ceartas a thaobh foghlum an cloinne, nach eilear a toirt ana-ceartas dhaibh. Tha e 'na ni gle mhuladach seann duine bochd a chur do phrìosan a chionn nach eil e comasach aodach us cairteart a chumail air a chuid cloinne.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers,<gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhèarr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.
Brogan matha saor.
Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

[TD 246]

[Vol. 6. No. 31. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 243.)

faodadh e bhi, gu 'n tarruing mi uaireigin sraing neonachais 'ur saobh-smuain; 's ged nach tairg mi do dh' ionad subhachais 'ur cridhe, beò-shaighdean, no fion air a bhruich ann a mil, tha mi 'n dochas a rithist, gun nochd mi mi-fhein aig dorus balbh-chleasachd ged a bhiodh mo bheachdan, cho fada fo bhi co-chòrdadh 's a bha 'n

t-iarunn 's a chriath bha 'n òrdagan Nebuchadnesar.

Faodadh e bhi, gu 'm bi ar suidheachadh air fhilleadh ann am barra-bhalla cleachdeadh, 's nach 'eil e comasach dhuinn sinn fhein fhaicinn, ach mar roimh ghlainneachan dorcha, 's nach leir dhuinn ach a chlosnach-an tochailt do bhuadh-inntinn 's don deas-phearsa-diolab na seana Ghaidheal do 'n sliochd.

Bidh a thogradh sònruicht tigh'n fo ùigh gach aon-bidh gach barail buaidh-dhireach a faotuinn aite smuaint an tuigse an fheallsanaich, ach se 'n fhirinn bhriathrach tha air fhilleadh anns na focail a leanas le "Sir Thos. Browne," a bhuaileas le neart aig ballachan-reusan nan uile, co dhiubh gheobh iad dorus fosguilte, no nach fhaigh:-

"Tha h-uile duine fìor-bheò 's a comhlionadh turus a bheatha, cho fad 's a tha e gluasad an co-chòrdadh ri nàdurachd fhein, no ann an dòigh air choireigin, a deanamh buil mhath de na tàlant an a chaidh a bhuileachadh air." Dh'fhaodamaid moran ainmeachadh a measg nan Gaidheal, thug geill, speis, agus aire do 'n teagasg so, bho Seneca gu <eng>"Lord Macaulay"<gai> agus roimhesan, "Seòras Buchanan"—a bha bruidhinn Gadhlig ma 'n d'fhuair e Beurla-thuilleadh air iomad urramad eile gheobh sinn ann an Eachdraidh an tìr. Le luchd-litreachais Shasuinn fhuair na Gaidheil iomadh beum agus aobhar tàmailt-fo Dr. Johnson, mathan-foghlum na Beurla ri linn; Macculloch na dheigh, ach chum na Gaidheil an ceann os cionn gach stoirm, gus an d-thainig buadhan peann Professor Blackie, agus Matthew Arnold ann an Sasunn, agus na nochd iad do 'n t-saoghal gu robh barrachd 'us fuaim ann a litreachas na Gadhlig. Faodaidh daoine gle ghlic beachdan cèarr altrum, agus an seorsa so, 'n uair a bhios iad a foghlum a réir claon-bhàigh 's claon-bhreith, tha 'n cridhe a ruith air falbh le 'n ceann mar a chur <eng>Alexander Pope<gai> an geill gu h-iomlan 's na focail Bheurla so:

<eng>"For virtue's self may too much zeal be had—
The worst of madmen is a saint run mad."<gai>

Bho 'n a tha mi cur càin throm air bhur foighidinn cheana, giullanaidh sibh linn car tacan fhad 's a bhios mi tarruing 'ur 'n aire gu briathran eucorach a chaidh a sgrìobhadh le ughdar ainmeil Sasunnach a thug mor bhardachd don Bheurla. Cha 'n 'eil beachd agam fhaicinn an aite 'sam bith far an deachaidh am bàrd so thoirt gu breth le sgrìobhadair Gaidhealach, ged a bha a bhriathran cho searbh, 's cho fiadhaich ri ni idir a chaidh a sgrìobhadh an aghaidh na Gaidhealtachd. B' ainm do 'n t-Shasunnach neimheil so Dr. Young-Ughdair <eng>"Night Thoughts"<gai>—agus bard aig a robh mac-meamna, cho ard, farsuinn, agus domhain, ann a seadh sonruichte ri <eng>Shakespeare<gai> no Milton 'n uair a b' inibhaiche cumhachd an tuigse. Sgrìobh e a bhardach tha mi ciallachadh, 's an àm 's an robh Prionnsa Tearlach a sabaid ri Teaghlach Hanobher airson a chrùn, agus chuir e fo theannunn Duic Newcastle i. 'N uair a bheir sibh 'ur breith fhein air na focail a chuireas mi m' ur coinneamh, 's gann leam a chreidsinn, nach bi sibh a sgrùdadh ur cuimhne, mar a bha Captain Falstaff a' g iarraidh gaol nam mnatha, measg uirneis an

tighe. So mar a sgrìobh Dr. Young:—

<eng>“And shall a Pope-bred princeling crawl ashore,
Replete with venom and guiltless of a sting,
And whistle cut throats with those swords that scraped
Their barren rocks for wretched sustenance,
To cut his passage to a British Throne?”<gai>

Ma bha Dr. Young ag iomairt cridhe Lorenzo gu mathas, air sgath maithas fhein, agus a shuilean cheana frasadh le druchdan caoidh Narcissa, bheir e sealladh soilleir dhuinn air a bheachd 's a chlaoin-bhaigh bh' aig sluaigh araidh air na Gaidheil aig am a Phrionnsa agus fad as deigh sin. Ach so 's an dol seachad.

'N uair a chuimhneachas mi air Alasdair Uaibhreach, Mhacedonia, bheir e f' a chomhaire m' inntinn, ceud chinn-fheadhna nan Gaidheal. 'N uair a dheireas bith Hannibal os ciann uile cheannardain-airm an t-saoghail, nach co-eignich i sinn gu smuainteachadh car tacan air, daoine, ard, tàlanta; deigheil air cogadh agus dealbhach; innteachdach agus mi-fhoighidneach fo ughdaras no smachd; gle chaochlaideach nan suidheachadh; ard agus garbh nam pearsa; ban-shnuadh 's a bitheantas le falt ruadh. Nise togamaid ar 'n inntinn air ais beagan mhiltean bliadna, dh' ionnsaidh cnoc-mòid aig ceanna-tuath <eng>Asia,<gai>air aon fheasgair sonruichte, agus chi sinn an a sin coltas nan Gaisgeach a dh' ainmeach mi, a tighinn le cabhaig gu cheile agus ag iomolaid comhairle. Airson min-dhealbh thoirt dhuibh air beachdan na coinneamh ud, faodaidh mi aithris fo bheachd-smuaint Ughdar ainmeil Frangach—Honore de Balzac, am fear sin a sgrìobh an ursgeul bhrioghmhor ud, air ainm—“Seic-na Druidheachd, no <eng>“Le Peau de chagrin.”<gai> Bha moran aig Balzac an co-chomunn ri Gaidheil. Cha 'n mhain gu'n robh e na thaibhsir, ach bha inntinn, lan bàrdachd agus aird smuaintean a Ghaidheal. Dh' ainmeach mi an duine so, chionn gu robh co-choltas aig a' nàdur ri nàdur nan Gaidheal an a neart smoint, oir feumaidh mi an creideas so a thoirt do na Frangaich gu n' a mhios iad obair Oisein ann an tomhas na b' airde na sluagh 's am bith eile; agus a reir a 'm breithsan fad air thoiseach air <eng>Shakespeare<gai> agus <eng>Milton<gai>. Se 'm beachd a thug iad dhuine, nach robh ann a' <eng>Shakespeare<gai> ach am burraidh, agus ann a Milton ach duine fiadhaich taca ri Oisein. 'S mair sin sìos, “Tha Cogadh, Cumhachd 'us Innleachd,” arsa Balzac, “an uair a tha iad ann an comas ruigheachd do dhaoine, cho neartmhor ri ana measarrachd agus tha so gu air tàladh, ga 'n ionnsaidh, mar a bha St. Helena smeadaidh air Napoleon.” Air a mhodh so, bha choinneamh, a dh' ainmeach mi, air a lionadh le iarrtas-cunairt 'us siubhail. An sin chaidh an òrdugh air feadh an luchd-cogaidh fo 'n ard fhear stiuraidh, gu robh iad ris an dùthaich ud fhagail—gu robh iad ri siubhail an Iar, gu buaidh na bàs fhaotuinn airson an ainm 's an cinneadh. Tha 'r leam gu m b'e sud a cheud Cheilidh. Ach cha 'n ann gu sith, chruinnich na laoch iad. Faodaidh mi gràdh 's an dol seachad gu 'm b'e choinneamh ud ciad-fhas “Commun an Fheilidh.”

Chrioslaich a ghinealach ud orra an airm-chogaidh 's an clogaid. Ghabh iad air aghaidh, mar a ghabh gach Gaidheal ceart nan deigh gu's na spar iad neart an gàirdean 's an inntinn air gach rioghachd

's an Roinn Eorpa. Mu dheireadh shuidhich iád iad fhein sios ann an Ghlinn 's am beanntaibh na h-Alba. As deigh sin, 's bho 'n uair sin, bha iad aithnichte do'n t-saoghal—<eng>“I sought valour where it was to be found,”<gai> labhair Lord Chatham, mu'n dei'nn an Tigh-na-Parlamaid, mu chiad bliadhn air ais. Agus as barail dhomh, gu'n a dh' aithnaich moran eile ceatharnachd nan Gaidheal nach do dh' iarr e idir. Tha eagal orm leis cho tiorram 's a tha mo bhriathran gu'm bi cuid agaibh a canail ribh fhein, gu bheil mi coltach ris an diùlnach, a chaidh a dh' iarraidh bean, 's gun aige de'n t-suiridhche, ach neo-lathaireachd ciall, na de' n bhàrd ach neò-lathaireachd toinneasg. A tigh 'n air ais do 'n chuspair. Bha oidhche chridheil, shunndach (no <eng>“ball,”<gai> mar a their sinn 's a Bheurla) ga chumail aig an oighridh—<eng>“a la mode”<gai>—ann am Baile-nan-Gaidheal, aig am sonruichte. Bha fuaim nan òran a siubhal, bho bhalla gu balla, mar ùr cheol na sitheachan 's a lionadh an tighe. Bha fuaim a' siubhal sios agus suas, mar gu 'm biodh e air aiseag le seimh-ghaoith, 'us for-theachdairean Dhiana, agus Ise dioladh cliù ann an “Teampuil aileadh an Uaibhair. 'S a 'n uair a cho-dhlùthadh na h-oighean le 'n guth, ceolmhor, eolach binn, bhiodh an dealbh a co-fhreagairt gu mean, ris an tuarasgeul thug Donnachadh Ban, air Mnathan luaidh Ghlinn Eite:—

'N uair a sheinneadh iad na h-oran,
Chuireadh iad na h-eòin an crannaibh.

Ach, <eng>“Cæsar et Crassus ad portas erunt.”<gai> (Bidh Cæsar 'us Crassus aig na dorsaibh a dh' aithghearr.) Thainig teachdaireachd do 'n tigh chiùil, a chuir an tigh fo sheadhachas, 's a thilg gach aighear bun os cionn. Dh' fhalbh an cridhealas 's an sunnd, 's nan aite, bha mionnan 'us mollachd. Chaidh eillt-chrith shearbh, mar shaighdean gui each, roimh aigne gach aon a bha làthair. Bha

[TD 247]

[Vol. 6. No. 31. p. 7]

broilleach nan oighridh brucadh le lan-chorruich, a bhios sinne creidsinn, bha geur agus ceart. Bu mhath do dh' ùghdair an alabain 's an uair sin, gu 'n rugadh e as deigh a sheanar no cha robh a shaoghal na b' fhaide, na fhad 's a bhiodh e dol a cnamh-na-h-amhach ris a chiad chraoibh a b' fhaisg air. Thubhairt <eng>Lord Bacon<gai> gu h-iomachaidh, gu robh deadh bheus, no neart inntinn mar fhìluraichean aluinn, a chuireadh fhaileadh na liu chùbhraidh 's an amar-bhruthaidh, “oir se soirbheachadh is fhearr a nochdas roitairachd, ach se mi-shealbh 'us doilghios is fhearr a nochdas deadh-bheus.” Ghabhadh iad buaidh feallsanachd an t-seana Ghaidheal, Seneca, gus an inntinn a thogail o'n làr an uair ud. Ach cha 'n eil teagamh agam idir, nach robh am measg a' chomuinn luasganaichd ud, cuid a bha reusanachadh a dh' aon bheachd ri Seneca—gu robh e na cheum dìreach an cùrsa na beatha, gu'n gabhadh an duin òg, beothail, fiallaidh aig a' robh geur bheachd smuaint, a ni so air son sonais, a bhi cruaidh-chath ri an-shonais agus mi-fhortain. Co dhiubh tha 'm beachd so fìor no nach eil, a so faodaidh mi bhi cinnteach gu robh a

cheart urad de chruth-atharraicheadh na measg, an uair a thainig an teachdaireachd do 'n tigh-chiùil, 's a bha 's a Neophyte (iompachain) aig Plato.

Dh' fhuiling na Gaidheil mi-cheartas air uairean cha 'n 'eil teagamh air, ach cha 'n urrainn dhuinn a chanail nach robh iad le tur aineolas, a tarruing moran do leithidibh so orra fhein, gu h-airid nuair a bha iad a cruaidh-chath leis an Deomhan-cogaidh sin-Graham Chlabhers, agus Montrose, nach robh ni na b' fhearr, an aghaidh Oliver Cromwell, caraide cho math 's a bh' aca riamh. Bha iad 's an am sin ann an "Ceo an Diabhuil," mar a tha Mac Coinnich ag iomradh orra an Eachdraidh na h-Alba. Air na cùisean so, bi atharrachadh barail, mar air gach ni eile, agus mar sin cha ghluais sinn coin as an cadal, oir thubhairt bard ainmeil Beurla gu bheil:-

Cheana aig gnìomh ro-mhath
Ard-mholladh buan:
'S cha'n iarr deadh ghiùlan,
Seirm cruit-chiùil, no duan.

"Gu de chuir gruaman air tigh-na-cluich am Baile-nan-Gaidheal?" 'S e sin a cheist agus am freagairt-"Bairleigeadh gu dol thairis!" Air brìgh na focail sin tha sibh cheana mion-eòlach 's mar sin mollachd dhaibh. Sguir an dannsa 's na h-òrain. Cha robh ach gearain agus cùram air gach laimh. Cha b'e idir buaidh-chlaidheamh an naimhid a b' aobhar do na nithibh so. Cha robh aon na measg a ghlaodhadh a mach-<eng>"Dulce et decorum pro patria mori!"<gai> Bha cairdean a dealachadh ri cairdean-piuthar ri bràthair 's an ainnir ri fear-gaoil. Tearnadh do'n phort, a dol a dh' ionnsaidh na luinge, cha robh na h-oganaich ud idir 's an rùn mhisnaicheil 's a' robh an sinnsreadh 'n uair a bhuaill iad an cas air tìr 's an ionad sin còrr 'us da mhìle bliadhna roimh 'n am ud. Cha 'n e beachdan <eng>Lord Byron<gai> mu na Greugaich ann an "Childe Harold" bha nan uchd-

<eng>"Ye mountains that see us descend to the shore
Shall see us victorious, or see us no more!"<gai>

Ri leantuinn.

Tha moran sgriobhaidh 'ga dheanamh ann am paipearan Halifacs an dràsda mu na tuathanaich, agus tha luchd-saothrachaidh na talmhainn a' faotainn an comhairleachadh gu math 's gu ro-mhath. Ach tha moran de na comhairlean sin nach dean feum sam bith a chionn gu bheil iad air an toirt seachad le daoine aig nach eil urad eòlais air tuathanachas 's bu chòir a bhi aig muinntir a ghabhadh orra fhein a bhi teagasg dhaoin' eile. Tha fios co-dhiu nach eil moran de thuathanaich na dùthcha so cho soirbheachail 'sa dh' fhaodadh iad a bhi, agus gu bheil iad fhéin ri 'n coireachadh air son sin. Tha cuid de thuathanaich soirbheachail a chionn gu bheil iad fhéin deanadach, math air an cuid fearainn obrachadh, agus cùramach mu gach ni a bhios aca; agus tha cuid eile ann am bochduinn do bhrìgh nach eil iad mar sin. Tha an tuathanachas mar a tha gnothuch sam bith eile; feumaidh duine an aire thoirt air, agus a bhi cho dichollach agus

cho gleidhteach 's is urrainn da mu'n dean e beolaind mhath a chosnadh, agus feumaidh e gach meud-mhór agus ana-caitheamh a sheachnadh, neo fàgaidh a chuid de'n t-saoghal e gu h-ealamh. Tha gach fear-ceairde 's gach fear-gnothuich an eiseamail an tuathanaich air son na dh'itheas 's na dh'òlas iad, agus mar sin mur bi soirbheachadh air-san cha'n urrainn soirbheachadh a bhi orra-san.

Tha aire dhaoine aig an àm so air a tarruinn gu Sina, far am bheil rioghachdan mora na Roinn-Eòrpa an impis a dhol troimhe-cheile. Tha Ruisia agus a Ghearmailt an deigh greim a dheanamh air port an urra, agus air mirean fearainn timchioll orra. Tha na puirt sin agus an fearann ma's fìor air an gabhail air mhàl o Shina. Tha Breatunn toileach gu leòr a' Ghearmailt agus Ruisia a bhi 'n seilbh air puirt ann an Sina, air chumha gu'm bi còir aig soithichean a cuid cheannaichean fhéin a dhol a mach 's a steach mar is miann leotha gu malairt a dheanamh. 'Se 's dòcha gu'n toir Ruisia agus a Ghearmailt géill dhi anns an ni sin, agus ma bheir bidh cùisean ceart gu leòr; ach mur toir bidh tuilleadh m'a dheibhinn. Tha Breatuinn ullamh gu dhol a chogadh air son a còirichean a chumail ann an Sina, agus tha dùthchannan eile toileach a pàirt a ghabhail.

Tha an t-Urr. T. De Witt Talmage, searmonaiche ainmeil baile mor Washington, an deigh pòsadh. Tha a' bhean a phòs e da fhichead bliadhna dh'aois, agus tha Mr. Talmage e-fhein thairis air tri fichead bliadhna s'a sia.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,

SIDNI, C. B.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY, Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 248]

[Vol. 6. No. 31. p. 8]

ORAN.

Air Latha na Maoile Ruaidhe.

LE DONNACHADH MAC-AN-DUBH-SHUILICH FEAR BRATAICH CHOLLA NA CEAPICH.

AIR FONN:-Oran Morair Ghlinne Garraidh.

Ho fairegan o ho,
Ho, ro no co latha,
Gur h-e Colla 'n ceann feadhna
Gleachd mu'n tom a bh'aig athair;
'S iomad spailp de dhuin uasal
Bha mu'n cuairt dhuit an la ud,
B'fhearr na clogaide cruadhach
Bhi mu d' ghuaillibh 's mu t-amhaich.

Chaidh na Tuathich gu pròisail
Ann an òrdagh a chatha,
Ach bha Colla ro sheòlta
Dh'fhan e stòlta gu latha.
'S iomad cumha le stòras
Gheibheadh Tòisach na Maighe,
Ach le uabhar is Glòir-mhiann
Chaidh e chòrdadh le claidhibh.

Sud an còrdadh gun ghliocas
Rinn thu nis ann ad an-toil;
Fhuair Colla fo chis thu
Cho min ris an lamhainn.

'S iomad cradh leaba is litir
Chaidh dh'Inbhirnis le do chàirdibh,
'S bochd nach d'fhuair thu diseursadh
Bhliadhna phàighadh am mal dhuit.

'S iomad musgaid 's pic iubhair
A bha 'n cuidachd a mhi-rath,
'S iad a tilgeadh cho fada
Ri cairteal a mhile.
Cha do shanntaich sibh teicheadh
A luchd nam feadanan cinntach,
Ach bhi sàthadh nam broillach
Sud an cothrom a mhill iad.

Bha thus a Cholla ro thapaidh
Mhic Gilleasbuig na mòrchuis;
Leig thu h-uc na coin sgaitach
'S cha robh cadal air doigh dhaibh.
Ged a b'inghneach na cait iad
Cha robh chridh aca sgrobadh;
'Nuair a sgaoil thu do lion riu
Thug thu mhiagail d á 'n srònabh.

Cha b'e sgobadh an t-seangain
No mar gum beanadh dhuit deargann,
A bha 'm buillean nan gaisgach
Chleachd na glas-lainn mar armachd.
'S ann a leigeadh iad smear ris
Far am beanadh cruaidh dhearg dha,
Us bhiodh eanchainn nam mullach
Tigh'nn mu muineil 'gan salachadh.

Dh'innsinn cuid de bhur beusan
Bha sibh treun ann san tòirachd,
Us bha bhuil air Clann Chatain
Gum b'e fasan Chlann Domhnaill.
A bhi cruaidh air chul claidhibh
'Nuair a chaitheadh iad lòd orr,
Eadar fhearaibh us ghillean
Bhi le sginnibh nan sgornain.

'Nuair a rainig thu 'n làrach
An robh àbhaist do sheanar,
Bha Clann Chatain 'sa ghàirich
'G'iarraidh fàbhair d'an anam.
An sin gheibhadh tu t-ailghas
Chur am paipeir an ceangal,
'S ged tha Chepach na fàsach
Tha i paighte le ceannabh.

Ged a ghlaodh iad ruibh anaghlas
Mu anmoch an fheasgair,
Chuir sibh sgapadh a mheanbh-chridh,
An luchd mamadh a pheice.

'Gun ruith feadh nam bruachan
Us 'gan cuartachadh dhachaidh,
'S 'gam paighadh na 'm fiachan
'S mor an ionndrinn dhoibh Lachann.

Bha Mac Choinnich ceann airm leo,
'S bu mhor earba as a mhathas,
Le a shaighdairibh faoghlumte
Fo 'n aodichibh dathar.
Nuair bha dhag air a seursadh
Sheall e geur ann san amharc,
Sin 'nuair phaigheadh an t-eudach
Bha ri earball na mnatha,

Gur h-e Aonghus bho 'n Tullach
An sar churaidh nach diobradh,
Bha air aodann an dùin ud
Us bu chunnart e cinnteach.
An am cruadail no gaisge
Cha 'n ann tais a bhiodh t-inntinn,
'Nuair a chaidh tu ga bhualadh
Gun d'fhuair thu fo chis e.

Bha Mac Coinnich na laidhe
'S rinn e chlaidhibh a shineadh,
Bha luaidh aig an Tullach
Mar a bhuineadh dha shinnseadh.
Cha robh 'n Lochidh no'n Spiathain
Fear a dh'iarradh gu strith riut,
A laoich ghleusta gun ghisrag
'S tu nach tilladh fo mhi-chliu.

'S tu nach tilleadh fo thàmailt
Bha thu dàna 'san iomairt,
'S tu choisinn buaidh-làrach
'S nach d'rinn pàrladh a shireadh.
Ach ceum air adhart le cruadal
Mar bu dual duit dhuit o d' chinnadh,
Chuir thu maoin air na Tuathich
'S ann leat fhuair iad am milleadh.

Thoir mo shoraidh le dùrachd
Dh'ionns' na triùir tha sa Bhràighe,
Gu Colla an làmh threubhach
E-fhéin 's a dha bhràthair.
Na fir chalm' fhuair an toiseach
Ann an toital nan clàidhean,
Gun robh agaibh mar sgeith dhuibh
Ainglean Dé anns gach àite.

Nam bu mhis a b'fhear seòlaidh
Air na seòid ud an dràsta,
Bhiodh fear air gach uilinn
Chor 's nach leigte 'n aon bhlàr iad.

Cha robh eagal no giorag
Air sàr ghillan na tàbhachd,
'S ann a bha iad sa chuimiasg
Mar sgeith chunnart róimh 'n cairdan.

'S e a Cholla mo dùrachd
'S tha mo dhùil ri e thachairt,
Thu bhi t-uachdaran dùthcha
Eadar Dùnan 's an Ceapach.
Eadar Ruthain us Spiathain
'S cill-mo-niobhaig a chladaich,
Ann am paigheachas sgriobhte
'S lamh an rìgh ris a chairt ud.

Cuim nach cuirinn-sa cuairt
Air Gleann Ruaidh 'san robh 'm baital,
Eadar monadh Dhruim-uachdair
Cnoc na Cuaille 's an Teagal.
Gun aon mhir a bhi bhuaite dheth
Ach cnuac Choir-an-easa,
Fearann dùthchais Mhic 'ic Mhartuin
Bu neo-nadara cheagadh.

ALASDAIR AN RIDGE.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor

<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>

agus faic na tha aca do

bhathar de gach seorsa agus

e ri reic gu saor.

Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,

TAILLEAR.

SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus

FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

[TD 249]

[Vol. 6. No. 32. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B. DI-HAOINE, 4 FEBRUARIDH. 1898. No. 32.

Litir a Thorburn.

Gu Fear-deasachaidh Mhic-Talla:

A CHARAIDE RUNAICH,—Tha uine mhòr o'n bha mi 'm beachd sgrìobhadh ugaibh ged nach d' rinn mi e gus an so. Cha robh mi o chionn beagan mhiosan ro fhada ann an aon aite 'sam bith, agus, uime sin, cha b' fhuasda dhomh mi-fhein a' steidheachadh sìos ri litir Ghàilig. Ach, ged bha so mar so, cha b' ann air an aobhar sin uile gu leir nach robh mi 'sgrìobhadh, ach air son reusain 'bu truime. Cha robh mo shlainte fad an fhoghair cho math idir 's a bu mhath le m' chairdean. Dh' fhaodainn uime sin, a' radh, "Tha an spiorad gu dearbh toileach, ach tha 'n fheoil lag."

O chionn beagan mhiosan bha mi fad thri seachduinean ann an Halifax. Ged bha mi iomad uair an Halifax roimhe, cha d' fhan mi cho fada riabh ann 's a rinn mi air an turas ud. Tha Halifax 'na bhaile briagha gu leor, agus le bhi air leth taobh bruthaich, tha e buileach inntinneach. Tha sgoiltean matha dhe gach seors' ann far an faigh a' chlann—cha 'n e 'mhàin leughadh, sgrìobhadh is cunntas—ach far am faigh iad ionnsachadh ann an iomadh doigh. Tha e, uime sin, furasda teaghlach a' thogail ann. Cha 'n eil mise fuathasach measail air na bailtean mora. Chunnaic mi gu leor de bhailtean 'an Canada agus anns na Stàitean a's briagha na Halifax anns nach deanainn mo dhachaidh idir; ach b' fheòrr thogail leam a' bhi 'fuireach ann an Halifax. Tha e 'na bhaile sìtheil, agus, 'g a mhiadachd, fuathasach sàmhach. Gabhaidh duine gu bitheanta, meas air baile mòr, agus air dùthaich cuideachd, cha 'n ann a mhàin air son an rud a chi e, ach air son an rud nach fhaic e. Gle thrì bheir na chi 's na chluinneas

sinn oirnn gràin a' ghabhail air aite. Their mi so mu Halifacs: aon rud nach fhaca mi ann 's e misg. Cha 'n fhaca mi ach aon fhear, agus, taing do Dhia, cha 'n fhaca mi idir bean, air an robh coltas deoch laidir; agus, mar thuirt <eng>Handy Andy<gai> 'n uair a mharbh e 'n cu, "'S ann le tuiteamas a rinn mi sin fhein." Dh' fhaodadh esan, an duine bochd, a' radh le firinn nach fhac e gin idir air an daoirich. Bha 'n duine cho dall 's cha 'n fhaiceadh e iad ged bhiodh iad ann.

Ged nach fhaca mi ann an Halifacs ach an aon fhear dall le daoirich, 's lionmhor fear is te, mo thruaighe! a tha dall anns an taigh mhòr air <eng>Tower Road<gai> ris an canar Sgoil nan Dall. Chuir mi greis de dha latha seachad anns an taigh so, agus b'e sin an uine 'bha taitneach leam. Bha mu cheithir fichead 's a deich ann a bha dall, mu leth chiad gille agus mu dha fhichead de nigheannan.

Tha 'n t-aon rud sin a's eireachdaile air uachdar an t-saoghail a dhith nan dall, 's e sin solus na greine. Cha 'n eil gu cinnteach anns a' chruitheachd gu leir sion a tha 'n coimeas ri solus na greine agus gach ailleachd a tha e teasbanadh dhuinn ann am briaghad. Cha 'n eil, math dh' fhaoidte, samhla corporra eile cho math againn air Grian a Cheartais Fhein ris a' ghrein a tha sinn a' faicinn gach latha. Theireamaid, uime sin nach eil ionndraichinn eile ann cho mòr ri bhi, mar tha 'n dall, gun chomas air an t-solus so no sion eile fhaicinn. Ach, rud a tha car iongantach, cha 'n eil sluagh air an t-saoghal, bharr a cheile, a's toilichte na iadsan a tha dall, agus cha 'n eil sgoil eile ann far am bheil cho beag aimhreit 's a th' ann an sgoil nan dall. (Gun teagamh cha bu choltach dhaibh a bhi ro mhath air sabaid.)

'S fhada o'n chuala mi gu 'n robh na doill toilichte. Fhuair mi dearbhadh air a' chuis ann an sgoil nan dall. Ach, ann an so, feumaidh mi 'ur luchd-leughaidh a' chur air an faicil mu mhearachd a tha feadhainn gu tric a' deanamh, 's e sin, gu 'm bheil an dall na 's toilichte na duine sam bith eile. Cha 'n eil sin ceart. Cha 'n eil air an t-saoghal an diugh ach àireamh bheag a bha buileach dall bho riabh. Chaill a' chuid mhòr de na doill am fradharc le cliobaisdeachd bho chuireigin. Tha fuathas diubh a bha 'n am miadachd m' an do chaill iad e. Nise, tha e amaideach do dhuine sam bith a bhi 'n duil gu 'm bheil fear diubh so na 's toilichte na bha e 'n uair a bha a fhradharc aige. Tha fhios aca nach càirich gal pige briste, agus tha iad, mur h-eil fìor chor fhear ann, strìochdaidh dh' an staid agus do 'n Fhreasdal. Ré uine tha iad toilichte cuideachd; ach faodaidh duine 'sam bith anns am bheil tonaisg a' thuigsinn gu 'm bheil cion an fhradhairc 'na aobhar trioblaid daibh; agus 's ann air an fheadhainn nach do chaill am fradharc gu buileach a's motha tha e 'cur de thrioblaid. Tha feadhainn eile ann a chaill am fradharc 'n uair a bha iad 'n an leanaban. Cha 'n eil iad so a' làn thuigsinn gu de tha 'gan dith. Cha 'n urrainn iad a thuigsinn cìod e solus no de tha dath a' ciallachadh. Tha iad a' tuigsinn gu 'm bheil rud-eigin 'g an dith, ach cha 'n eil am fradharc a' cur moran iomaguin orra;—cha 'n eil fhios aca cìod e. Dh' amais fear diubh so rium ann an Halifacs. Bha e mu cheithir bliadhn' diag; 'na sgoilear math dha aois; agus 'na

dheadh fhear ciuil. Dh' fhaighnich mi dheth cò dhiubh b' fhearr leis a' bhi dall no 'bhi bodhar. 'N uair thuirt mi bhi bodhar, bha mi 'ciallachadh e 'bhi 'na bhalbhan. Cha 'n eil am facal "balbhan" 'an cleachdadh 's an t-saoghal tha so, oir tha e air a dhearbhadh gu'n gabh bruidhinn ionnsachadh do dhuine 'sam bith nach d' rugadh gorach. Thuirt e rium, "Cha ghabhainn an saoghal gu leir, agus mo fhradharc comhla ris, air son mo chlaisneachd."

Mhòthaich mi do dh' aon rud ann an Sgoil nan Dall a thug sannt gair' orm. B'e sin an rud a theireadh na doill rium an uair a bheirinn air laimh orra. Bha iad uile dall; bha cuid diubh cho dall 's nach bu leir daibh an latha seach an oidhche; ach cha robh aon fhear no té nach d' thuirt rium: <eng>"I am happy to see you."<gai>

Tha 'n litir so a' fas cho fad orm 's gu feum mi dàil a' chur ann am pàirt d'i gus an ath àireamh dhe 'n MHAC-TALLA.

Is mis' ur caraide dileas,
UILLEAM IAIN OIG.
Thorburn, Siorramachd Phictou,
Là-Fheill-Brìde, 1898.

Litir a <eng>New Hampshire.<gai>

Bliadhna mhath ùr dhut, fhir-dheasachaidh ionmhuinn, agus moran dhiubh, 's do mo chàirdean gu leir, 's do luchd-leughaidh MHIC-TALLA thall 's a bhos mar an ceudna. Ged nach eil mi comasach air aon chuid litir bhlasda no phongail a sgrìobhadh, gidheadh tha mi a creidsinn gu'm biodh mo chàirdean toileach facal no dha a chluinntinn uam de sheorsa air chor-eigin, agus air an aobhar sin bheir mi ionnsuidh air sgrìobag a chur gu MAC-TALLA ma bhios sibh cho math 's gu'n cuir sibh i 'na 'r paipear gasda.

'S mi fhein a tha 'g ionndrain Cheap Breatunn, an t-eilean maisaach; a shruthain, a chnuic 's a ghlinn; MAC-TALLA uasal a bhiodh a tighinn do m' ionnsuidh gach seachdainn; a Ghailig bhinn, bhlasda; agus co-chomunn mo chàirdean 's mo luchd-eòlais. Cha'n ionnan agus a <eng>"How do"<gai> fuar a gheibh mi 's na Stàitean. Tha mi ann an

(Air a leantuinn air taobh 252.)

[TD 250]

[Vol. 6. No. 32. p. 2]

Lagh na Fairge.

Am measg nan rioghachdan gu leir, is e so an reachd a tha iad a' leantuinn, an deigh moran cainnt, 'us reusonachadh 'us aimhreit: gu buin do gach rioghachd, agus gu bheil coir sheasmhach aig gach rioghachd 'us dùthaich, air tri mìle de 'n chuan bho gach cladach a bhuineas doibh. Co-dhiu 'tha moran no beagan eisg ri taobh a'

chladaich, tha coir 'us sealbh aig gach tir 'us fine air a' chuain fad tri mile bho 'n chladach, agus is e eucoir 'us ana-ceartas a ni dùthaich air bith eile 'n uair 'tha i le dalmachd 'us le sannt ag iarraidh dol thairis a 'challaid a tha tri mile 'togail gu laghail an cladach gach dùthcha. Faodaidh an cladach a bhi creagach, cam no dìreach, lan storais no as eugmhais eisg, cha 'n eil gnothuch aig daoine air bith ach na daoine 'tha tuineachadh anns an dùthaich, air dol thairis air 'challaid so; agus lamh lag no laidir a chur air ni air bith a ghabhas faotainn anns na tri mile so. Tha lagh na fairge 'ciallachadh mar an ceudna, gu buin gach port, 'us loch, 'us acarsaid a tha deich mìle aig am beul, do 'n dùthaich anns am bheil iad, agus gu bheil coir na dùthcha orra co laidir, onorach, ceart am feadh a tha iad deich mìle air farsuingeachd bho cheann gu ceann aig am beul, 's tha a coir air tri mìle de 'n chuan a tha 'bualadh le 'thonnan troma, luasganach air creagan 's air an traighe 'tha mu thimchioll na dùthcha. Ma tha beul puirt 'us loch tuilleadh agus deich mìle air leud, buinidh do 'n tir anns am bheil iad tri mìle bho 'n chladach mu 'n cuairt agus buinidh an corr de 'n bhagh no de 'n phort do rioghachdan an t-saoghail gu h-iomlan, mar a bhuineas an cuan beucach, tonnach, domhain, neoshamhach do gach rioghachd 'us fine. Is gle mhaith a tha eolas aig luchd-leughaidh MHIC-TALLA gur i so an lagh leis am bheil iasgach an truisg, 's an adaig, s an sgadain air a riaghladh ann an Newfoundland agus anns gach cearna eile de na roinnean a bhuineas do Chanada ri taobh na fairge. Tha fios aig iasgairean Chanada gu bheil na Stàidean daonnan ag iarraidh gu teid an lagh onorach, ceart so a chur an neo-bhrìgh, agus mar so gu faigh iadsan cead 'us comas air iasgach a dheanamh ri taobh gach cladaich 'us anns gach loch, 'us bagh, 'us port air am bheil coir dhìonmhalta aig Canada. Tha 'n latha anns am faigheadh na Stàidean an doigh 'us an toil fein bho Chanada, le bhi bagrach, tamailteach, Iadarna, gu brath seachad, agus seasaidh Canada daonnan, mar tha i deanamh a nis, gu dileas, duineil, foirmeil, pongail as leth a' cheartais agus na corach. Is e feallsanachd aon-taobhach a tha taitneach ann an suilean nan Stàidean, oir, ged tha iad a' creidsinn no ag eigheach a mach nach eil iad a' faotainn ceartais no caoimhneis iomchuidh ann an iasgach an truisg, 'us an sgadain, 'us an adaig a bhuineas do Chanada air taobh an ear America, tha iad le seanachas dana, 's le fuaim breun, dalma a' cumail a mach gu buin doibhsan agus doibhsan a mhain, caoil fhada, fharsuing, dhomhain Bhehring, ged tha fios aig na balachain fein anns an sgoil, gur e fairge mhor a tha da rìreadh ann an Caoil Bhehring. Anns na caoil so, tha na roin lionmhor, agus tha na craicinn no na bein aca fiachail ann am margadh mor an t-saoghail. Rinn na Stàidean iomadh oidheirp nach robh aon chuid uasal no cliuiteach airson na roin fhaotainn doibh fein gu buileach agus air iasgairean Chanada no Cholumbia a chumail air falbh bho Chaoil Bhehring. An deigh moran deasboireachd, 'us connsachadh 'us dìchioll cuilbheartach a dheanamh, tha na Stàidean a' faicinn gu feum iad ceartas a dheanamh, agus gu bheil Breatunn ullamh 'us iarrtus ach air coirean Chanada 'dhìon agus a theasairginn an aghaidh nan Stàidean agus gach rioghachd aig nach bi toil no deoin air firinn a ghleidheadh no air slighean ionracach a leantuinn. Tha misneach 'us cridhe Chanada 'togail an cinn gu h-aighearach, togarrach a nis; o'n tha dearbhadh co-laidir againn air gach taobh, gu bheil amannan maith am fagus,

agus gu bi ann an uine ghearr, grian aghmhor an t-soirbheachaidh a' dortadh a nuas a soluis glain, aoidheil air gach cearna de Chanada, agus air gach innleachd, 'us obair, 'us ceaird, a tha na Canaidianaich a' cur an gnìomh. Is e talamh neo thorach gun bhrìgh a tha anns na h-aitean far am bheil an t-òr as deirge dreach r'a fhaotainn. Tha sluagh lionmhor anns an Roinn-Eòrpa 'tionndadh an aire ri Claondaic, agus ris an Amhainn Fhrasach. An uair a bhitheas an samhradh ann an tús a bhoidhcheid agus a ghrinneis, bithidh mìltean ag imeachd le ceum deifireach gus na h-ionadain anns am bheil an t-òr pailt 'us luachmhor. Feumaidh an sluagh mor so biadh 'us eudach. Gheibh sinn margadh brisg maith aig an tigh airson gach damh 'us caora reamhar a bhitheas againn; agus airson gach cruithneachd àluinn, 'us eorna, 's coirce briagh 'us brioghmhor a thogas sinn anns an talamh shultmhor, ghreadhnach a tha againn an sud agus an so ann an lionmhorachd anabarrach. Theid na muillnean cotain 'us cloimh g' an dubhlan ann an uidheamachadh eudaich airson nan daoine 'tha 'cladhaich an oir. Bi farum, 'us othail, 'us deifir nuadh 'us mhor air am faicinn 'us air am faireachduinn shìos 'us shuas, anns gach baile mor 'us beag, air gach loch 'us amhuinn, 's air gach rathad-iaruinn 'us creadha ann an Canada.

Cha 'n eil ach pris bhochd r'a fhaotainn air eich aig an àm so. Tha gné 'n dealanaich ag iomain nan carbad luath anns gach baile 's an dùthaich, agus cha bhi feum tuilleadh air eich throma, laidir airson carbadan farsuing 'tharruing air feadh sraidean nam bailtean mora. Thog na Stàidean mar an ceudna, callaid cise an aghaidh nan each againne, agus air an aobhar so, cha 'n eil e comasach margadh a shireadh anns na Stàidean airson ar n-eich. Tha feum daonnan aig Breatunn air eich laidir, fhallain airson a h-eachraidh, agus bheir i gu toileach pris mhaith airson eich de 'n t-seorsa so. Toisichheadh mata, tuathanaich Chanada air eich a thogail a bhitheas freagarrach am marc-shluagh cogaidh Bhreatuinn, agus gheibh iad margadh gasda air an son.

CONA.

Mu 'n Luing-imrich "Polly," 1803.

O'N BHEURLA, LE S. A. MAC ILLE-MHAOIL

'Se aon de na nithean sonruichte a thachair ann an Eilean Phrionns Iomhair anns a bhliadhna 1803, tighinn an t-soithich-imrich ainmeil sin ris an cainte am "Polly," a thug àireamh mhor de luchd-turuis le 'n imrich a nall á Albuinn.

Anns an t-soitheach sin thainig athraichean nan teaghlaichean a tha nise a tuineachadh anns an àite sin de Eilean Phrionns Iomhair ris an canar <eng>Belfast<gai>, àite a thog moran de phrìomh luchd-lagha, dotairean, marsantan, agus caiptinean-mara, ged a tha moran dhiubh a nis air an sgapadh air feadh an t-saoghail, agus faodaidh eachdraidh bheag aia cuid de na prìomh luchd-imrich a bha 'n so a bhi rud-eigin annasach do chuid, agus gné de ghluasad inntinn a chur ann an cuid eile. Fhuairadh an naigheachd so ann an leabhar-cuimhne

a bha ann an seann chiste dharraich a thugadh a reir coltais a nall á Albuinn, an uair a thainig na h-eilthirich á tir an dùthchais, oir bha gach oisein dhi a leigeadh ris gu soilleir gu 'n robh i air a dhol troimh iomadh fairge bhuaireasach agus cuan stoirmeil. Bha 'n leabhar-cuimhne (oir 'se sin a dh' fhaodar a radh ris) air a sgrìobhadh, cuid dheth le peann agus dubh, agus cuid eile le peann-luaidhe, agus leis cho mionaideach 's a bha gach ni air aithris bha e coltach gu 'n robh e air a sgrìobhadh le aon a bha co-aimsireach ris an fhear mu 'm bheil an cunntas air a thabhairt cho iomlan anns an leabhar-chuimhne.

B' ann do mhuinntir Chircubri <eng>(Kircudbright)<gai> ceana-bhaile na siorrachd do 'n ainm sin, ann an taobh a deas na h-Alba, a bha 'm fear air am bheil an cunntas so air a sgrìobhadh. Fhuair e cuid de fhoghlum ann an aon de sgoilean-paraisde baile a dhùthchais. Gle òg bha e air a cheangal mar fhoghlumaiche ceaird na taillearachd, ach air dha bhì luaineach, neo-shuidhichte ruith e air falbh o mhaighistir an deigh dha beagan bhliadhnaichean a thoirt aig a cheaird agus ghabh e 'san arm.

Mu bhliadhna an deigh gabhail san arm chaidh an reiseamaid anns an robh e ordachadh do dh' Eirinn, oir bha 'n dùthaich sin ann an staid bhuaireasach leis an ar-a-mach a bhrìst amach ann an '98. Chunnaic Alastair (oir b' e sin ainm baistidh) cuid de sheirbheis gle chruaidh. Ghleachd e aig <eng>Vinegar Hill<gai> agus bha e 'n caochladh arabhaigean ris na h-Eirionnaich thir-ghràdhach.

[TD 251]

[Vol. 6. No. 32. p. 3]

Ann an aon dhiu sin fhuair le eòn cràiteach a dh' fhag e car ùine neo-chomasach air a dhleasanach a choimhead. An uair a thainig ciùinachadh air an trioblaid an Eirinn chaidh an riseamaid aige ordachadh do Chanada agus chaidh ar treun-laoch comhladh rithe, agus an uair a rainig e fhuair e fiosrachadh air fuachd is ùdlaigheachd na duthcha sin a deanamh dleasdanas gearasdain ann an dun-daighnich Chuebec. An deigh dha trì bliadhna a chur seachad ann chaidh an reiseamaid a ghairm air a h-ais, agus chuir Alasdair a choinneamh air tìr a dhùthchais. Cha do leighis an leon a fhuair e ann an Eirinn gu buileach riamh agus bhrìst e mach a rithist as ùr. Bha 'n turus cuain thar an Atlantic ann an soitheach trùp anns na laithibh ud fada agus mall, ag dh' fhuiling na seoladairean gu searbh le tinneas an tachais thioram, agus an uair a rainig an soitheach "Portsmouth" cha robh Alasdair ni b' fhaide comasach air seirbheis a dheanamh do 'n rìgh, agus fhuair e a shaorsa agus beagan de shaor-dhuais bhliadhnail.

An deigh dha a shaorsa fhaotainn thill e do Chircubri agus re seal chaidh e air ais gu 'sheana cheaird, ach ged a bha a shlàinte beagan air a h-ath-philleadh le àile cubhrìdh tìr a dhùthchais cha robh idir a chridhe anns an obair aondhuthach sin, a gearradh agus a deanamh suas aodaichean; bhiodh an t-seann fhaireachdain luaineach a

tighinn, agus dh' fhalbh e mar sin air seacharan car uine air feadh gach frith-bhaile is baile mor, ag aithris eachdraidhean mu'n chogadh ann an Eirinn, agus na h-ìoghnaidhean a bha 's a chunnaic e air an taobh thall dhe 'n <eng>Atlantic.<gai>

Aig an àm sin bha cheist mhor sin mu imrich do dh' <eng>America<gai> an deigh greim a ghabhail air moran de 'n t-sluagh chumanta ann an iomadh aite ann an Albainn, agus o'n a bha Alasdair cho fada thall anns an duthaich iongantach sin, co b' fhearr a dh' innseadh na chunnaic e, aon chuid ann am Beurla no ann an Gailig na e fhein, agus mar sin cha robh dragh sam bith aige e fhein a chur ann a fiachaibh do 'n t-sluagh a bha anns a chearn sin dhe 'n duthaich a shiubhail e, agus bha e a faotuinn cuireadh gu taghal a rithist-gu sònruichte bho na daoine blàth-chridheach agus fialuidh ann am Peart agus an Earraghaidheal, am measg an d' rinn e a thursan a b' fhaide agus an taghal gu trice. A thaobh gu'n robh tuigse gheur shoilleir aige, agus gu'n robh e deaschainnteach agus dannarra ann an argumaid bha e air aon de na daoine sin a tha comasach air roinn mhor de chumhachd a ghnàthachadh eadhon ged a bhiodh e easbhuidhach anns na buadhan a b' àirde. 'Se choire mhor a bha na chliù cho fior dheighail 's a bha e air agairt lagha agus cònnspaid ann an ni sam bith a thigeadh an taobh a stigh dhe eòlas anns am biodh teagamh sam bith. 'Na òige bha e air a thoirt fa-near gu'n robh barrachd tlachd aige ann an litrichean an Abstoil Phòil na bha aige ann an eachdraidhean an t-Seann Tiomnaidh 's an Tiomnadh Nuaidh, agus 'nuair a bha e ag ionnsachadh a cheaird bha moran deth ùine dhìomhaineach air a chaitheamh a mèdachadh air leabhraichean lagha Bhlackstone agus leabhraichean lagha eile a bhiodh e gabhail an iasad bho sheana ghriasaiche a bha 'na nàbuidh aige. 'Se 'n deireadh a bh' ann gun do cheannaich e na leabhraichean so, agus gu'n tug e aire dhoibh le mor churam. Bha iad aige air reidhlean na h-Eirinn 's thug e leis iad thar a chuain do Chuibec agus air ais do Albainn; bhiodh aon no aon eile aige air a chuairtean anns a Ghaidhealtachd, agus còrr us tri fichead bliadhna an deigh sin chite iad, air am meorachadh 's air am milleadh 's air an caitheamh, 'nan sineadh gu socrach ri taobh an t-seann bhiobull-theaghlaich air sgeilp 'na ionad còmhnuidh iriosal ann an Eilean Phrionns' Iomhair.

Leis cho deigheil 's a bha e air tagradh lagha agus air deasbuid, agus cho ullamh 's a bha e air toirt seachd as a stoc de uidheam-gunnaireachd, no de airm-chogaidh, as a thigh-stòir de eòlas air lagh timeil 'us Sgrìobturail, fhuair e an suaicheantas "Alasdair laghail." Air alt air chor-eigin, anns a' bhliadhna 1802, tharriunn e aire Thòmais, Iarla Shelkirk, a bha aig an àm a cleachdadh gach innleachd air daoine a shuidheachadh air a chuid fearainn, agus mar sin bha toil aige gluasad a chur ann an inntinn sluagh na Gaidhealtachd feuch an togadh e buidheann a chuireadh e air falbh do dh' <eng>America<gai> air an ath bhliadhna. Bha moran fearainn aig an Iarla ann an Eilean a' Phrionnsa, agus b'e sin an duthaich gus an robh an soitheach ri dol. Rinn an Riaghladair "Fanning" òraid ann an tigh na Pàrlamaid ann an Eilean Prionns' Iomhair an ceud mhios a gheamhraidh 1802, anns an do thaisbein e a thoil-inntinn gu'n robh aige ri ràdh bho'n ughdarras a b' àirde, gu'n robh cùisean an Eilean air an toirt air beulaobh luchd-comhairle an Rìgh agus gu'n robh e

coltach gu'm biodh cùisean gle fhàbharrach do 'n t-sluagh leis na bha de dh' fhearann fas gun àiteach anns an Eilean, agus air an aobhar sin bha na tighearnan fearainn a deanamh an uile dhichioll gus luchd-imrich a thuineachadh an cuid fearainn.

'Se gle bheas eòlais a chuir an t-Iarla air ar caraid Alasdair 'nuair a thuig e gu'm b 'e a cheart dhuine a bha 'dhith air, mar fhear-ionaid airson a dhol air feadh an t-sluaigh, a shoilleireachadh dhoibh na cothroman a bha an Saoghal Ur a tairge do 'n fhear-imrich, airson a mheud dhiu 's a b' urrainn, a bhi deiseil gus an turus a a ghabhail air an e-soitheack a bha gu seòladh as an Oban 'san t-samhradh a b' fhaisge. Thug an t-Iarla tairgse gle mhath do dh' Alasdair air son an obair a ghabhail os laimh, agus thòisich e 'san spot, agus chòrd an obair ris a ghné inntinn a bh' aige gu nàdurra.

Cha mhor nach robh gach aon ris an tachradh e a nochdadh dha an t-eagal 's na teagamhan 's na cunnartan a bhiodh ann an dol do dh' <eng>America<gai>-cunnartan an turais chuain, fuachd a gheamhraidh, an cruadal a bhiodh ann an leagadh nan craobh, eagal nan Innseanach, nam mathain agus bheathaichean fiadhaich eile dhe 'n robh iad a cluinntinn gu'n robh a choille làn-bha so uile a cur iomaguin mhor air an luchd-imrich, ach bha Alasdair comasach air dreach eile 'chur air gach fath iomaguin a bha 'n so, le briathraibh ealanta, agus 's ann 'nuair a bhiodh e ris an obair so a bhiodh e 'na fhior ealamaid fein. Bha a leòr aige do dheasbuid 's do chònsachadh fad a gheamhraidh, agus is iomadh botull uisge-beatha a chaidh a thraoghadh mu choinneamh nan teinntean mòine aig na croitearan neo-chiontach sin far am biodh e 'taghal ré a gheamhraidh. Chuireadh e mu choinneamh an cuid gearain-san na buanachdan a bhiodh aca anns an t-Saoghal Ur na ciad bhliadhnaichean, seach mar a bha iad aig an àm; chuir e am fiachaibh dhoibh gu'n robh an soitheach a bha gus an toirt thar a chuain mor agus làidir, le bàtaichean maith, le àsuig is siùil le slabhruidhean is acraichean 's gach uidheam eile air am biodh feum. Dh' innis e dhoibh gu'n robh na craobhan ann an America de stuth bog agus soirbh ri 'n gearradh, agus cho liuthad feum 's a dheante dhiu-gu togail thaighean 's shoithchean is challaidean, connadh, 's mar sin sios; an siucar a thigeadh asda co luachmhor 's a bha e, gu'm foghnadh dhoibh sliseag a thoirt á craoibh agus gu'm brùchdadh am mach an stuth a b' àillidhe agus le beagan dragh gu'm feudadh sin a bhi air a bhruich gu siucar a bu mhillse blas, agus le seòl eile (nach do chleachd na h-eillthirich) gu'n deanadh e an t-uisge-beatha a b' fhearr. Agus an tì (rud a bha gle annasach anns a Ghaidhealtachd anns na laithibh ud) gu 'm feudte a faighinn gu pallt anns na suampaichean 's anns a choille cho maith 's a thainig riamh á Sina. Agus air son nan Innseanach, gur fad bho'n a chaidh an iompachadh gu Criosdalachd le sagairt a chaidh nam measg 'san àm an robh na Frangaich a seilbheachadh na dùthcha. Agus cha deanadh e ach gàire fanaid mu 'n eagal a bha orra roimh bheathaichean fiadhaich-theireadh e gur e 'bhi ruith a mhathain feadh na coille le coin, le gunnaichean, 's le cuailleachan, lan-aidhir a b' fhearr a b' urrainn dhoibh iarraidh. Ach 'se 'chrùn a chùis uile an rud ris an canadh e fhein <eng>Argumentum ad crumeran<gai> agus gu'm b' e sin cho furasda 'sa gheibheadh iad fearann gu leor le leasichean fada, ach

chum e gu dichìollach am falach an cruadal a bhiodh aca ann an réiteach an cuid fearainn; agus ged nach mor nach robh na bha e 'g ràdh uile na bhréig bha de bhlas firinn air na thug comas dha 'n fhear-ionad chuilibheirtach, le 'theanga mhìn, sgàil a chur air a chuid nach robh fìor.

(Air a leantuinn air taobh 254.)

[TD 252]

[Vol. 6. No. 32. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia mìosan,50

Tri mìosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 4 FEBRUARIDH 1898.

(Air a leantuinn o thaobh 249.)

so mu dhusan mìle stigh anns a choille 'gam riasladh air feadh chnochd agus bheann <eng>New Aampshire<gai> ag gearradh chraobhan mora spruis. Tha mu dha fhichead duine againn ann an càmpa ri taobh aimhna, agus tha mu leth dusan dhiu á Ceap Breatunn. Tha pròis orm air son gur e Gaidheil Cheap Breatuinn daoine a's foghaintiche a tha nam measg. Tha mu dhusan Frangach ann, ach mo thruaighe! cha'n ann acasan a's fhèarr a tha na tìmeanan. Tha còcaire agus fear-frithalaidh againn. Tha an campa mu dha fhichead troigh air fad agus mu ochd troighean fichead air leud. Tha trì stobhaichean ann, trì buird-bhìdh ann 's am bheil mu fhichead troigh air fad, agus air an lota tha fichead leaba-dìthis a cadal anns gach leaba. Tha sabhal againn anns am bheil mu dhusan each; bìdh iad so ri taruinn an fhìodha dh' ionnsuidh na h-aimhne, far am bheil duine ag obair air a chur a mach do'n t-sruth. Is mor an obair a ni iad ann an coig mìosan. Tha na ceudan duine anns a phairt so de <eng>New

Hampshire,<gai> a shamhradh 's a gheamhradh, ag obair air craobhan spruis a thoirt gu <eng>Berlin<gai>, baile a tha shìos an amhuinn, air son paipear a dheanamh dhiu. 'Nuair a thig tuiltean toiseach an t-samhraidh cuiridh iad air falbh leis an t-sruth iad as a so. Tha na beanntan cho cas 's gu'm feum gach duine a bhi air a chruidheadh cho maith ris gach each. Tha sinn air deagh bhiadh agus cha'n e beagan a riaraicheas da fhichead duine acrach. Cha mhair baraile flùir ach mu cheithir latha, cuide ri feòil 's buntàta agus gach seorsa eile. Tha sinn ag obair fhad 's is latha e. Tha am fear frithealaidh a bualadh clag mu choig uairean 'sa mhaduinn agus am biadh deas, agus an sin am fear nach beir air a bhogha beiridh e air a chlaidheamh, agus am fear a's fearr airson e fhein a chuideachadh is e a chasan a's blaithe a bhios fad an latha-bithidh am paidhir shocsichean a's fhèarr m'a chasan. Gu de do bheachd air so? Anns a mhaduinn an de bha fear de na Frangaich a cur uime a chòta agus 'nuair a chuir e uime e bha e 'ga fhaireachadh car iongantach, agus 'nuair a dh' fheuch e, mo chreach! cha robh aige ach an colair agus na muilchinnean. Fhir mo chridhe! nach ann a bha fear de na gillean air paidhir mhogan a thoirt as an druim aig a chota aige 'nuair a bha e na chadal.

Tha fios gu'm bheil sibh a gabhail sgios do m' litir, 's air an aobhar sin cha chan mi tuilleadh. Beannachd leibh. Is mi 'ur caraid an la 'chi 's nach faic.

AN GILLE DUBH.

Tha troimhe-cheile nach beag a' dol air adhart anns an Fhraing aig an àm so. O chionn beagan bhliadhnaichean air ais chaidh Caiptean Dreyfus, aon de dh' oifigich an airm, a chur an sàs air àmhrus gu robh e toirt fiosrachadh do'n Ghearmailt air nithean diomhair na Frainge. Chaidh fheuchainn gu falachaidh 's chaidh a dhìteadh. Tha an duine truagh riamh o'n uair sin air a phrìosanachadh air eilean beag tuath air Astralia, far nach eil duine ris am faod e facal a radh. Tha e eadhon air a bhacail dhoibhsan a tha ga choimhead guth a radh ris ach 'nuair nach gabh sin seachnadh. Tha moran de mhuinntir na Frainge a' deanamh mach gu bheil Dreyfus neo-chiontach, agus tha iad air son e bhi air fheuchainn a rithist, ach dhiult an Riaghladh sin a dheanamh. Air dhaibh sin a dheanamh thòisich iorghail mhor am measg an t-sluaigh, agus tha cuid dhiubh a cur rompa gu faighear a mach an fhirinn mu Dhreyfus a dheòin no dh' aindeoin. Tha aon duine <eng>Emelie Zola<gai> an deigh a dhol cho fada 'n aghaidh an Riaghlaidh 's gu bheil e nìr a chur do'n phrìosan. Bidh aige ri cùirt a sheasamh ann an ùine ghoirid, agus aig a chùirt sin thatar a smaoinachadh gu'n cuirear solus air càs Dhreyfus; 'se sin a bha aig <eng>Zola<gai> 'san amharc. Tha gluasad an-fhoiseil am measg an t-sluaigh, agus cha'n eil fhios cuin a dh' fhaodas iad bristeadh a mach ann am mi-riaghailt, oir is daoine iad a tha gle bhualteach dha leithid.

'Si Sina an Impeireachd as motha sluaigh a tha air an t-saoghal. Tha ceithir cheud muillean innte. Ann an Impireachd Bhreatuinn air fad tha mu dha cheud 'us ochd muillean. Ann an Ruisia tha sia fichead us

naodh muillean. Ged ràchadh sluagh Ruisia agus na h-Impireachd Bhreatunnaich a chur cuideachd bhiodh trì fichead muillean 'sa trì ann ann Sina a bharrachd air an àireamh a dheanadh iad suas.

Tha baile-mor Dhamascus ann an Siria cho sean 's nach eil cunntas sgrìobhte ri fhaotainn ag innse cuin a chaidh a thogail an toiseach. Cha'n eil teagamh nach e'm baile 's aosda th' air an t-saoghal.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers,<gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 253]

[Vol. 6. No. 32. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Rinn an stoirm a bh' ann 'sa mhaduinn Di-màirt beagan millidh air eaglais Hogomah.

Tha na h-eich 's na sleigheachan a nise ruith air an deigh eadar so us Sidni Tuath. Tha na reothaidhean a bh' ann o chionn ghoirid an déigh an deigh a dheanamh gu math làidir.

Thainig fear Henry Berry, a mhuinntir <eng>Clementsport, N. S., <gai> ri bheatha fhéin air an t-seachdain s'a chaidh. Chaidh e gu tobar agus chum e a cheann fodh 'n uisge gus an robh e air a bhàthadh. Bha e as a rian.

Thatar a' bruidhinn air rathad-iaruinn a thogail an cois a chladaich eadar Yarmouth agus Halifacs. Tha sinn an dòchas nach bithear a bruidhinn uime cho fada 'sa bhatar a bruidhinn mu rathad Cheap Breatunn mu 'n deachaidh lamh a thoirt air.

Tha a' chùirt aig luchd an smuglaidh ann an Sidni Tuath a' dol air adhart fhathast. Thug an luchd-ceartais binn Chaip. Street a machtha aige ri càin da cheud dolair a phàigheadh, agus sia mìosan a chur seachad anns a' phrìosan. Chaidh càin da cheud dolair an urra chur air dithis eile.

Tha caraid á Dunmaglass, an siorrachd Antigonish a' sgrìobhadh ugainn, agus ag radh gu robh stoirm eagallach aca anns an àite sin air Di-dònaich, an 23mh latha de 'n mhios a dh' fhalbh. Bha ghaoth a' séideadh gu h-uamhasach agus rinneadh milleadh mor air taighean 's air saibhlean. Cha chuimhne leis na daoine 's sine 'san àite stoirm bu mhiosa na i.

Chaochail an Seanalair Sir Fred D. Middleton ann an Lunnainn o chionn ghoirid. 'Se bu cheannard air airm Chanada 'nuair a bhatar a' cur fodha ceannairc Riel 'san Iar-Thuath 'sa bhliadhna 1885. Chaidh a chur á dreuchd an deigh sin air son ni-eigin a rinn e 'san Iar-Thuath nach robh ceart. An deigh dha dhol air ais do Bhreatuinn fhuair e bhi 'na fhear-gleidhidh nan seudan rioghail, agus bha 'n oifig sin aige gu am a bhàis.

Bha duin' òg d' am b' ainm Seumas Allison ri bhi air a chrochadh ann am Berlin, Ontario, 'sa mhaduinn an diugh. Mharbh e bean an fhir aig an robh e 'g obair, agus bha 'n uaigh aig air a cladhach 'dha no trì lathaichean mu 'n d' rinn e an gnìomh. Cha robh reusan sam bith aig air son cur as di. Chaidh tagradh a chur 'dh' ionnsuidh an Ard-Riaghladair ag iarraidh a bheatha chùmhnaidh, ach dhiùlt esan sin a dheanamh. Cha robh am murtair ach ochd bliadhn' deug a dh' aois.

B'e Di-màirt latha taghaidh nan comhairlichean. Bha Domhnull M. Curry air a thaghadh anns a' cheud earainn de 'n bhaile le trì

bhòtaichean a bharrachd air Iain Poushay; Tearlach Mac Fhionghain anns an darra earainn le ceithir a bharrachd air Reynolds Harrington; agus E. C. Hanrahan anns an treas earainn le trì deug a bharrachd air Raonull Gillios. Ann an Sidni Tuath fhuair A. C. Bertram a stigh mar Ard-bhàillidh; agus D. D. Mac Coinnich, Bart Musgrave, Iain Vooght agus Anthony Gannon nan comhairlichean.

Tha coinneamh gu bhi aig muinntir Shidni Di-luain, air son fhaotainn am mach an e toil na mor chuid dhiubh, am baile ghabhail airgeid an iasad air son cuideachadh a thoirt do chuideachd an iarunn ma bheir iad na h-obraichean do 'n bhaile. Cha bhi an t-suim os cionn leth-cheud mìle dolair, agus bi'dh sin air son làrach agus uisge saor a thoirt do 'n chuideachd. Is còir do mhuinntir Shidni an uile dhìchioll a dheanamh air an obair-iarunn a thoirt an so, oir ma thig i ni i feum mor do'n bhaile agus do 'n duthaich. Agus mur tig, cha n eil mòran dòchais ri adhartas sam bith a thigh'nn air a bhaile.

Tha Mr. Grand a chaidh a thilgeadh ann an Thorburn air an t-seachdain s'a chaidh, beò fhathast, agus tha choltas air gu 'm faod e faighinn thairis air a leòn.

Chaidh luchd àireamh shoithichean de bhuntàta a chur air falbh a siorrachd Kings gu Habhana, an Cuba, air an fhoghar s'a chaidh. Chreiceadh am buntata eadar \$4.25 agus \$5.25 am baràilte.

Tha boirionnach òg d' an ainm Mrs. Canavan air a cur an sàs ann a' <eng>Woodstock, N. B., <gai> air son a piuthar fhéin, Minnie Tucker, a phuinnseanachadh. Cha 'n eil fhios car son a rinn i e; chuir i am puinnsean ann an ti a thug i dhi.

Shil moran sneachda ann an Ontario 's an Cuibeic air a' gheamhradh so, barrachd mor 'sa shil anns na mor-roinnean iseal. Shil an sneachda ann am Montreal toiseach na seachdain s'a chaidh na bu truime na shil e o chionn fichead bliadhna.

Bha stoirm thàirneanach aca ann an taobh an iar Nobha Scotia toiseach na seachdain s'a chaidh, ni nach eil a' tachairt ach gle ainneamh anns an dùthaich thuathach so. Chaidh tigh, ann am baile Yarmouth a bhualadh leis an dealanach la na Sàbaid agus rinneadh milleadh nach bu bheag air, ach gu fortanach cha robh cron air a dheanamh air duine.

Cha d' fhuair an soitheach-smùide Bruce a stigh gu Sidni Tuath air an t-seachdain s'a chaidh idir. Chruinnich moran deighe mu bheul na h-acarsaid agus cha b' urrainn dhi a dhol troimpe. Bha i 'n sàs 'san deigh o Dhi-haoine gu Di-màirt, agus 'nuair a fhuair i aisde chaidh i air ais gu Newfoundland. Tha iad ag radh nach robh uiread deighe am beul na h-acarsaid cho trath so o chionn deich bliadhna fichead.

Tha iad a' deanamh a mach gu bheil mu leth cheud mìle duine nan tàmh ann am Boston air a' gheamhradh so; cha 'n eil obair ri fhaotainn. Cha 'n eil teagamh nach eil àireamh mhor 'nam measg a dh' fhàg fearainn mhatha as an deigh air am faodadh iad deagh bheòthachd a

dheanamh 'nam biodh iad air fuireach orra. Ach 'san t-saoghal a th' ann 's fhearr le daoine bhi 'sa bhaile mhor ge b'e de 'n suidheachadh anns am bi iad.

Bha stoirm mhor ann 'sa mhaduinn Di-màirt, agus mhair i gu math fiadhaich gu meadhon-latha. Shil roinn shneachda, agus chath e mar a shil e. Cha robh againn an so ach iomall na stoirme; mhair i na b' fhaide agus bha i moran na bu truime an iar oirnn. Ann an taobh an iar Nobha Scotia, an <eng>New Brunswick,<gai> an Cuibeic s ann am Maine, bha na rathaidean air an dùnadh air chor 's nach b' urrainn do na carbadan-iaruinn gluasad. Bha moran dhiubh air an stad ann an citheachan, agus cha d' rainig iad an ceann-uidhe gu ceann coig no sia dh' uairean an deigh an ama bu chòir dhaibh fuigheachd. Bha an carbad a dh' fhalbh á Sidni maduinn Di-màirt mu uair gu leth an deigh time a ruigheachd <eng>Point Tupper.<gai>

Iadsan a Phaigh.

Mairi E. Nic Gilleain, Gabarus.

A. W. Bethune, Loch Lomond.

Iain A. Mac Ille-mhaoil, <eng>Clabherhouse, Loch Ainslie.<gai>

Domhnull Domhnullach (gobha), Rathad Amhuinn Dhennis.

Calum Mac Gill-fhaollain, <eng>S. W. Margaree.<gai>

Calum C. Mac Leoid, Amhuinn Dhennis.

\$2.50

Domhnull A. Gillios, Mabou bheag.

50c

Iain A. Mac Gille-bhràth, <eng>Dunmaglass, N. S.<gai>

Ruairidh Mac Rath, <eng>Little Sands, E. P. I.<gai>

\$2.00

Tormaid Mac Ille-mhaoil, <eng>New Denver, B. C.<gai>

Dr. A. F. Mac Leoid, <eng>Spokane, Wash.<gai>

\$2.00

An Breitheamh D. T. Domhnullach, <eng>Duluth, Minn<gai>

\$2.00

I. H. Staples, Bruachdryne, Alba.

Eobhan Domhnullach, Lentrán, Alba.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, -- C. B.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 254]

[Vol. 6. No. 32. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 251.)

Ach 'se sin rud a fhuair na Gaidheil choir a mach air an cosd mu 'n robh iad fada anns an tir. Do dhaoine a bha air an cleachdadh ri iasgach is cuairtachadh spreidh cha robh idir tuagh an fhir-choille furasda 'laimhseachadh. Bha na craobhan moran ni bu chruaidhe na bha am fear-ionaid a cur am fiachaibh orra, agus cha robh iomradh air doimhneachd an t-sneachda idir ri taobh an teine mhòine ann an Albainn, agus fhuair iad am mach nach robh na feillidhean-beaga freagarrach airson a gheamhraidh fhada 'nuair a thigeadh a ghaoth le fead bho 'n iar-thuath le fuachd 's le reothadh. Cha d' thainig an tì 's an siucar idir suas ris mar a bha e air a chur am fiachaibh dhoibh, agus cha do thionndaidh na bhatar ag radh riutha mu shaoiread an fhearainn a mach dad ni b' fhearr; agus is iomadh

mallachd a chaidh a thoirt air an fhear-ionad agus air an Iarla, anns na coilltichean aonaranach, mar a bha am fear-àitich bochd, air dhroch comhdach agus air acras cor uair, 's am fallas a sruthadh troimh gach pòr dheth chraicinn, a leagadh nan craobh. Ach tha mi 'dol roimh mo naigheachd, agus feumaidh mi tilleadh gu Alasdair.

Air feadh na cuid sin uile dheth 'n dùthaich anns an robh e 'siubhal thog e faireachduinnean neo-shocrach am measg an t-sluaigh. Dh' aontaich cuid gu h-ullamh mu'n d' fhàg e iad, bha cuid eile na b' fhadalaiche mu dheanamh suas an inntinn; ach co-dhiu, 'nuair a thainig an t-earrac bha moran diu a deanamh deiseil gus an dùthaich fhagail 's dol do America.

Bha Alasdair an so 'na uile ghlòir. Chuir e crìoch air a ghnòthuch a chaidh earbsa ris le buaidh mhath, agus 'nuair a thug e fios do 'n Iarla, mu thoiseach a Mhaigh, cho math 'sa rinn e an ghnòthuch thug e dha, comhladh ris an deagh dhuais a bh' aige roimhe, da cheud acaire de dh' fhearann saor far an togradh e fein air staid an Iarla ann an Eilean a' Phrionnsa. Thug so air Alasdair gu'n do thilg e a chranachair comhla ris an luchd-imrich, agus dol thar a chuain 'anns an t-soitheach cheudna.

(Ri leantuinn.)

Comunn an Fheilidh.

AONGHAS 'SA <eng>"HIGHLAND NEWS."<gai>

Neach sam bith a leughas "Euangeline" le Longfellow gheibh e ann a sin tha mi 'm beachd, eisempleir shoilleir air droch dheiligidh nan Uachdaran ris a Ghaidhealtachd 's na linnibh a dh' fhalbh. Agus is cinnteach mise, gu robh air feadh nan Gaidheal òga, "'s na sean daoine cùiseil, bha cliùiteach 'us treun" sgradhan agus deallaichean, cho drùiteach trom, tiomhaidh 's a bha riamh eadar "Gabriel Lajouesse" agus "Evangeline"—gur h-iomadh suil bha fliuch le deuran mulaid a caoidh neo-làthuireachd leannain, agus iomadh cridhe an ùine ghearr as deigh sin a bha cuidhle air tionndadh mu dheireadh gu deachuinn 'us bròn, agus iad le osnaich thùrsaich ghoirt a' fàgail an t-saoghail so, 'us "Evangeline" air bilean am bàis.

'S eigin dhomh a rithist tigh'nn air ais gu Byron, agus cud da briathran mu seann Ghreugaich uisneachadh mu na Gaidheil—

<eng>Fierce are Albania's children, yet they lack not
Virtues, were those virtues more mature.
Where is the foe that ever saw their back?
Who can so well the toil of war endure?
Their native fastnesses not more secure
Than they in doubtful time of need.
Their worth, how deadly! but their friendship sure
When gratitude or valour bids them bleed—
Unshaken, rushing on where'er

Their chief may lead....<gai>

Chaidh an sin a chuideachd gu leir air bord na luinge: sheol i gu dùthaich chéin, far an d' fhuair cuid do na Gaidheil ud saoi bhaeas agus mnathan; cuid eile, bochdain agus bàs anabaich. 'S math a dh' fhaidte gu' robh buidhean eile, a bha suidhe sìos gu biadh eigneach, agus a canail ri cheile, cha 'n eil teagamh agam, mar a thubhairt Leonidas ri 'shaighdearan ro bhlar Thermopylae—"Itheamaid ar dinneir ann a so, mar gu 'm bitheadh maid a dol a ghabhail ar suipeir 's an ath-shaoghal. Ach a rithist bha comhlan eile dluth ri cach-a-cheile, agus mar a bhios "aisling cailleach mar a dùrachd," bheir so mi gu preumh-phuing mo chuspair. Cha do chuir deuchainnean, no fad-slighe, no cruadal, as cuimhne na cuideachd sin cleachdanan agus gnàthachadh an dùthcha. 'S mar sin choinnich iad, oidhch' àraid, le mor dhùrachd gu Comunn Gaidhealach a chur air bonn, agus an ùine aithgrearr chaidh na h-uile ni mar bu mhath leo, 'us bha sd iad an Cruinneachadh "Comunn an Fhéilidh."

A reir riaghailtean a' Chomuinn so, bha iad ri cruinneachadh ann an gleann monaidh, agus sgeulachdan air na seana Ghaidheil agus an dùthaich a thoirt fo 'n aire, le òrdugh a Mhaormhor-b' e sud ainm a cheann-suidhe.

"Nis," arsa am Maormor, air dhaibh coinneachadh a cheud uair, "tha mi dol a ghairm air ball sònruichte de ar Comunn, agus ma bheir sibh dha deadh éisdeachd, tha mi làn-chinnteach gu 'n toir e dhuinn naigheachd a bhios ùrail, sunndach, aighearach. 'S ged a dh' fhairicheas sibh an ùine car fada a'g éisdeachd ri m' ghlagadaich-sa, bidh sibh fo dhruidheachd a theanga-san, mar a bha Iain Odhar 'nuair a bha e danns an cnoc-nan-sithichean fad fichead bliadhna 'n aite aon ruidhle goirid. 'S gun tuilleadh a ràdh iarraidh mi air ar caraide Alasdair MacIain a tha "cho fad 's a cheann 's a bha Fionn 's na casan," a cheud sgeulachd a thoirt dhuinn.

Bha Alasdair 'na shuidhe tarsuinn air cnoc, mar a bha Arion air druim an <eng>Dolphin<gai>, 'nuair a dh' éubhadh 'ainm agus gun tuille dàil dh' eirich e, 'us chaidh e 'n ceann na sgeulachd a leanas:-

"Anns a' Bhaile-chùil," ars Alasdair, "bha duine craothairneach, fada caol, dubh-cheannach, 's e cho crosda, a bha ro-bhriathrach, agus geur-amasach an gearradh-cainnt. Mar a' dh' eirich do iomadh duine math 'us dona a bharrachd air, chaidh a bhaisteadh, ach cha robh moran eifeachd aig a sin air, agus a thuille air a ghnòthach sin, chaidh deadh ainm a thoirt air-ainm a sheanar, agus "cha b'e 'n t-àgh e fhein" reir tuairsgeul. Ach mar bu trice 'se "Murachadh a Bhearraidh" a b' fhearr a fhreagradh e aig feill no aig baile. Ge b'e de bha gu a-olc na 'sheanair, dh' oighrich Murachadh seachd-fillt air, agus cha bu shoirbh leis dealachadh ris.

"Co dhiubh an deigh a h-uile cleas 'us cul-chàineadh 'bh' ann am Murachadh, bha e air uairean feumail ann a bhi bristeadh aon-fhuaimneachd an aite-samchair 's an robh e gu minic a gabhail a chuairt. Bha e cho math a measg cuideachd shàmhach 's a tha 'n

sgeallan-meilte <eng>(mustard)<gai> airson cnàmh dhinneir. Mar sin tuigidh sibh, a dh' aindeoin 's na bha na aghaidh, gu'n robh Murachadh na dheadh fhearras-chuideachd.

“'Am faca tu am ministear?’ arsa Murachadh, ‘Sud agad far a’ bheil na sloightairean a tha faotuinn aran gle shocrach, airson caineadh an Donais, 's math mo ghnòthuch fhin ris an obair, seach iadsan.’

“Bha am ministear turus eile air chuairt, agus thaghail e air Murachadh ann an dochas—tha mi 'm beachd—gu 'n tugadh e gu rathad ceart e. Ach cha robh sud soirbh le Murachadh a dheanamh, oir bha spéis mhor aige do dhiolab a sheanar—an t-olc. 'S mar sin cha robh teagasg fear—a-chòta do Mhurachadh ach mar a tha 'n t-uisge do dhruim a gheòidh. Bha leithid do tharsunnachd na fhreagairt 's gun do ruith foighidin a mhinistear, nach robh tuilleadh 'us fada co-dhiubh, gu ceann, agus is cinnteach leam gu robh ardan a tarruing loineachan, mar a bha Michale Scott—an druidhaire—air an traigh a bha nan coltas crosta gruamach, m' as d' thubhairt Murachadh 's e coimhid car air fhiaradh air greann a mhinistear:—‘faodaidh e bhi gur duine math thu, ach cha'n eil gnùis deadh dhuin' agad, mar a thuirt 'Niall nam Beann' ris a chat.’

“Bhuail an t-ardan fear a chòta, agus fhreagair e Murachadh ann an cainnt nach can sinn uile bha ceart—‘Thoir an aire a dhuine cheannaircich,’ ars' am ministear 's e bualadh a dhorn le feirg air bord a bha ri 'thaobh, 'cha bhi aon searmon 's an droch-aite.’

“'Ma ta! mur bi a dhuine chòir,’ thuirt Murachadh air a shocair fhein, 'cha 'n e di mhinistearan a bhios oirbh.’

“Stad an comhradh 's ghabh iad là math le cheile. Latha de na laithean as deigh sin thachair do Mhurachadh a bhi lasadh na piob thombaca, 'nuair a chaidh am minister a stigh ga amharc. 'Tha thusa cur teine ris na h-ana-miannan!’ ars am ministear le fàilt.

[TD 255]

[Vol. 6. No. 32. p. 7]

“Nach e sin a thigeadh orra, a dhuine chòir!’ fhreagair Murachadh, gun a phiob a thoirt as a bhial.

“Thainig e turus eile, gu tigh duin'—uasail, far an robh beagan sluaigh aig cuirm. 'Cha mhisde cùil ghlan a rannsachadh,’ arsa Murachadh ris fhein, 's e deanamh air dorus an tigh-mhoir. 'Cha'n ann gun fhios c'arson a bheireas cearc ubh,’ thuirt e a ris, 'n àm fosgladh an doruis.

“Cha robh sùil a stigh nach robh leagte air Murachadh 'nuair a nochd e, ach ghabh e gu ceann aghairt an t-seòmair 's shuidh e ann an oisein ann a' sin gun sealtuinn air duine bha làthair.

“'Gu de tha cearr ort a Mhurachaidh,’ arsa fear an tige, ‘'nuair a

tha thu teicheadh gu ruige cùil mar sin?’

“‘Cha bhi gean air Grannnach gu’m faigh e ‘shuipeir,’ fhreagair Murachadh gu h-eallamh.

“‘Buaileam ort,’ arsa fear an tighe.

“‘Leigeadh mi leat,’ fhreagair Murachadh.

“‘Bidh an saoghal agam.’

“‘Na th’ air uachdar agam,’ arsa Murachadh.

“‘Tog leat iad,’ thuirt fear an tighe.

“‘Punnd iad–gabh falbhaireachd asda,’ arsa Murachadh.

“‘Ma ni thu rann ’n ar n-eisdeachd gun fhocal firinn, bheir mi dhut do dhinneir agus bonn crùn.’ ’S gann a thuirt Murachadh–’S bargan e,’ ’n uair a leum e air a chasan agus thòisich e mar so–

“‘Cha’n eil fhios nach teid mise a bhathadh. Theabas mo bhathadh roimhe, ’nuair a bha mi air a mhuir bheag suas fo ’n mhuir eile. Thog a gheolach a deireadh ’s thilg i mise mach, agus ’se Ruaridh Mhic-a-Scalpair a thug a stigh mi. Thuit e fhein a mach agus ’se Tomas beag mo bhrathair a thug a stigh mi.

“‘Choinnich an sin ‘Mis’ choir uasal mi, a mhuinntir an Eilean Sgiathanaich. Dh’ iarr i oirnn a dhol thun an taighe; us cha rachamaid ann. Thug i ’n sin dhuinn rud beag air màs gloinne, ’us b’ fherr dhuinn e na ’n saoghal. Thug sinn an sin a nuas na croinn ’s thog sinn na siuil, ’s shaoir sinn na raimh, ’s dh’ iomair sinn gu cladach na h-Iurt i.

Ri leantuinn.

Blar na Maoile Ruaidhe.

B’e batal na Maoile Ruaidhe am batal fhineachan mu dheireadh a chuireadh an Albainn. ’S ann eadar Clann an Tòisich us Clann Domhnuill na Ceepaich a bha e.

Anns a’ bhliadhna 1431 dh’ éirich Domhnull Ballach, (mac Ian Mhoir Chinntire), ann an ceannairc an aghaidh an rìgh; chaidh Mac ’ic Raonuill ’ga chuideachach; us air son sin chaidh a chuid fearinn a chur ris a chrùn ’s a thoirt do Mhac-an-Tòisich. Ach bha claidheamh nan Domhnullach ri sròin nan Tòiseach, ’s cha robh chridhe aca tighinn nan còir. Bha chùis mar sin fad còrr is da chiad gu leth bliadhna. Anns a bhliadhna 1688, air do Mhac-an-Tòisich a chluinntinn gu ’n robh Colla na Ceepaich, (Mac ’ic Raonuill), air àiridh, thainig e le mìle fear, seachd ciad de dhaoine fhéin agus trì chiad de dh’ arm an rìgh, fodh an Caiptean Mac Coinnich, duine cho foghainteach ’s a bha anns an arm Bhreatunnach, ’s iad an duil

Colla sgradh dhe an Cheapaich; ach cha robh fios aca co ris a thachair iad. 'Nuair a chuala Colla gun do ghabh Mac-an-Tòisich seilbh anns a Chaisteal, dh' fhad e 'bhean, a bhanarach us an spréidh air an àiridh an Loch-Treig, us thainig e nuas gu strath us dh' fheuch e ri cùisean a reiteach ri Mac-an-Tòisich; ach bha e cho àrdanach 's nach robh dòigh air còrdadh ris. 'S e bh' ann a sin chuir Colla chuid daoine cruinn, tri chiad fear, 's cha b' iad na meathaich iad. Chuir Mac 'ic Alasdair, Mac 'ic Iain, agus Mac 'ic Mhàrtuinn da fhichead an t-aon de dhaoine air an taghadh 'ga chuideachadh. Bha an sin ceithir chiad 's a fichead aige. Am feasgar roimh latha 'bhatail chuir na Tòisich iad fhéin ann an òrdugh air mullach na Maoile Ruaidhe, 'us bha na Domhnullaich air taobh deas Spiathain mu 'n coinneamh. So am port a bha piobaire Mhic-an-Tòisich a cluich:

"Thainig, thainig, thainig iad,
Thainig na cait, thainig iad,
Thainig na cait 'thogail nan creach,
'Bhualadh nan speach thainig iad."

Deireadh na h-oidhche chaidh na Domhnullaich thar Spiathain shuas aig Murlagan 's fhuair iad air cùl nan Tòiseach, us luidh iad anns an doire gu maduinn. Aig soilleireachadh an latha chuir piobaire Cholla suas am port so:

"Chlann Domhnuill an fhraoich,
A mhuinntir mo ghaoil,
Luchd nan cas caol thugaibh am bruthach dhiu.
Chlann Domhnuill an fhraoich,
A mhuinntir mo ghaoil,
Luchd nan cas caol cumamid riutha sid.
Chlann Domhnuill an fhraoich,
A mhuinntir mo ghaoil,
Luchd nan cas caol cuiribh 'nan siubhal iad.
Muintir a chail, muintir a chail,
Muintir a chail 's an t-sar bhruesta.

A sin bha iad nam bad mu 'n d' fhuair iad an cuid ghunnaichean mòra thionndadh. Cha do sheas am batal ach mu dheich mionaidean. Mharbh us ruagaich iad na Tòisich agus na saighdearan dearga. Cha do theich an Caiptean Mac Coinnich idir; 's ann a chum e gu Aonghus Mor na Tulacha an duil aichmheil a thoirt dheth air son na rinn e de sgathadh air a chuid daoine. Ach cha b'e Aonghus Mor a fear a thionndadh a chùl. Bhual an da ghaisgeach air a cheile; ach ma bhual cha b' fhada sheas Mac Coinnich. Chuir fear Thullach e le luth-chleas an cunntas nam marbh.

Tha cuid an duil gum b' iad na Domhnullaich a bha air mullach a bhruthaich, ach cha b' iad idir a bh' ann. So agaibh dìreach mar a chuala mis' aig m' athair an sgeula mu bhatal na Maoile Ruaidhe; agus tha mi creidsinn gu 'n robh fios aige mar a bha a chuis, cho math 's a bh' aig duine air bith.

ALASDAIR AN RIDGE.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.
Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math
is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's
saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY, Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 256]

[Vol. 6. No. 32. p. 8]

Sealladh air Oisean.

LE NIALL MAC LEOID.

Air feasgar ciùin, sàmhach, 's an earrach,
'S mi 'tearnadh bho bhearradh nam mòr-bheann,
An smeòrach a' seinn air gach bealach,
'S na h-uillt a' dol thairis le 'n crònan,
Gu 'n d' fhuair mi 's an àite sin sealladh
'Rinn m' inntinn 'us m' anam ro bhrònach;
'S ma dh' fhaodas mi cuibhrionn dheth 'aithris,
Na measaibh an ealain so gòrach.

'N a shineadh fodh spògan na daraig
Bha laoch a bha fearail 'n a chòmhradh,
Bha 'fhiasag 's a ghruag mar an canach.
Mu 'ghuaillean 's mu 'bhroilleach 'gan còmhdach;
Bha chlarsach ri 'thaobh air a' charraig
'S a teudan 'g an tarruing fodh 'mheòirean;
'Us sheinn e na rainn so a leanas:-
Na'm b' eòl dhomh an aithris air dòigh dhuibh-

"Thig làmh rium, a chlarsach mo sheanar,
Bu bhinn leam thu 'n earrach na h-òige,
'N uair 'bhuailinn do theudan le deannal
An àm a bhi 'tionail n'an còmhlán;
An talla na h-uail 'us na caithreim,
'S an cluinnte mar aingil na h-òighean,
'Toirt ciùil dhuinn air cliù an cuid leannan,
'S air euchd an cuid lannan 's a' chòmhstri.

Thig làmh rium, a chlarsach, car tamuill,
'S gu 'n seinn sinn, mu 'n dealaich sinn, òran,
Mu 'n càirear gu bràth sinn's an talamh,
'S gun aon ann a mhealas ar còmhradh;
Na glinn a bha làn tha iad falamh,
Gun daoine, gun tighean, gun cheòl annt',
Tha 'm bàrd 'dheanadh dan agus ealain,
'S an clarsair 'n an cadal fodh 'n fhòd ann.

Ach c' àit' 'eil na h-àrmuinn 'bha duineil,
'Chaidh 'àrach mu mhullaich a cheò ud?
'N do bhàsaich an t-àlach ac' uile,
'S na glinn so gun duine gun chomhnuidh?
Cha chluinn mi ann Gàidhlig no luinneag,
Ach nuallan na tuinne cho brònach;
Tha caoirich 'us féidh air gach tulach,
An àite nan cuiridh a b' eòl dhaibh.

'N do chaochail na laoich a bha gaisgeil,
A cheannsaicheadh feachdan 's a' còmhrag,
Gu buadharra, cruadalach, smachdail,
Nach lùbadh fodh chasan luchd-fòirneirt;
Fodh shuaicheantas luaineach am brataich,
'S na pìoban le 'n caismeachd ri ceòl dhaibh,

'Cur fuinn air na suinn 'bha gun ghaiseadh,
Nach tionntadh le taise 's an tòrachd?

Ach sgaoileadh an iar 'us an ear iad
Bho dhùthaich an seanar 's an eòlais,
An dùthaich a dhion iad cho fearail,
'S a dhòirt an cuid fala 'g a còmhnadh,
Na fàrdaichean blàth agus geanail,
An diugh cha 'n fhaigh ainnis a lòn annt',
N an làraichean fàsail fodh smalan,
Ag caoidh mar a sgaradh an glòir dhiubh.

Ge tric thàinig naimhdean le caithream
'Thoirt cìs dheth ar fearann le dò-bheairt,
Le 'n airm-chogaidh rùisgt' air an tarruing,
'Teachd dlùth do ar cala le mòr-chuis;
'S ann phill iad gun inntinn gun anam,
Le àireamh 'bu ghainne na 'thòisich,
Mar 'philleas na garbh-thuinn bho 'n charraig
'Ni gaire le fanaid ri 'm bòilich.

Nach caochlaideach, faoin, agus carach,
An saoghal so 'mhealladh gach seòrsa?
Tha linn agus linn a' dol thairis
'S cha till iad a dh' aithris an sgeòil dhuinn;
'Us càirdean mo ghràidh-sa nach maireann,
A sheasadh mar charraig 's a' chòmhraig,
Ge b' àrdanach, làidir an ceannas,
Tha 'n àlach gun fhearann gun chòmhnuidh,

Ach slàn le mo chàirdean nach maireann,
'S le glinn agus beannaibh mo shòlais;
'Us slàn leis na fiùranan fallain,
'S le ciùil agus caithream na h-òige;
'Us leibh-se, mo ribhinnean geala,
Mar reultan gun smal ag cur sgleò orr':
Cha chluinn mi 'n guth binn aig an ainnir
A' seinn aig a' mhainnir gu ceòlmhor!

Tha 'n ceò ag cur smùid mu na meallan,
'S tha mise fodh 'n daraig na m' ònar,
Tha bròn agus tùrsa air m' anam
'S an nochd cha tig caraid ga m' fheòrach;
Ach slàn leat, a chlarsach mo sheanar,
Chaidh crìoch air gach ealain 'us òran,
'Us càirear gu bràth sinn 's an talamh,
'S gun aon ann a mhealas ar còmhradh!"

Do 'n Ghaidhlig.

AIR FONN: "Mo chridhe trom 's duilich leam."

O! c'aite a' bheil na fiùrain sin,

Fo dhiulnaich lugh nan Ard-bheann-
Na Suinn neo-chearbach, mheanmach ud
Thug breith 'us aimn do'n Ghaidhlig.

SEISD.

Bi mise trom, daonnan trom,
A caoidh di-meas na Gaidhlig;
Cha 'n eil i mar bu mhiann leam i-
A' measg nan glean 's nan àrd-bheann.

Tha sùil fo dhriùchd aig Temora!
Cha 'n fhaic mi fiamh a' gàire.
Tha Clarsach Oisein lag-chuiseach,
Gun fonn, gun srann, gun Ghaidhlig.

Bha innleachd ard 's ùr-bheachdachadh,
Le còisir-sheimh na lathaireachd-
An diugh 'se Ollaimh Gheairmeilteach.
Rinn fasnadh dearbh do 'n Ghaidhlig.

Bha feart gu oigrìdh mhisneachadh,
Bha iul, bha ceòl, bha bàigh innt'-
Bha tuigse reidh, ro-sholamaicht,
Gu suthainn beò 's a Ghaidhlig.

Na gaisgich chliuiteach, thapaidh ud
Nach lùbadh sìos nan traillean,
Tha 'n cliù an diugh gun altmhorachd
Gun mhios, 's gun bhlas 'n ur Gaidhlig.

Cha 'n iarr i maoin gu aithris orr'-
Tha h-eachdraidh cheana 'làthair;
Tha aois gun phlaosg gu faicsinneach,
Air beatha 'us dealbh na Gaidhlig.

Le fuaim gu luadh-mor caithreamach,
('S na bi na d' shuain le àilleas)
Tog iollach-duain do shinsearachd,
Nach diobradh riamh a' Ghaidhlig.

Na treigeamaid gun duinealas
An canain bh' aig ar màthair-
A Ghaidhlig bhlasda, thlachdmhor sin,
Bha aice gu ar tàladh.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.–agus–<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
TAILLEAR.
SIDNI – – – C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 257]

[Vol. 6. No. 33. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 11 FEBRUARIDH. 1898. No. 33.

<eng>AFRICA<gai>.

Is e so ainm aon de na roinnean mora anns am bheil an saoghal gu
leir air a phairteachadh, agus mar so air aithneachadh leis gach
linn. Tha <eng>Africa<gai> a' seasamh mu dheas o'n Roinn-Eòrpa, agus
air an airde 'n iar bho <eng>Asia.<gai> Tha 'n cuan an-mhor,
leathunn, beucach, ris an goirear an t-Atlantic, eadar
<eng>Africa<gai> 'us <eng>America<gai>. Tha cnuic air taobh mu

thuath <eng>Africa<gai> 'tha 'giulan an ainm <eng>Atlas<gai>, agus is ann bho 'n ainm so 'thug an cuan a tha 'togail a thonnann troma, luasganach, eadar sinn fein agus an Roinn-Eòrpa an t-ainm air am bheil sinn uile min-eolach. Is e bheachd a bha aig na daoine 'bha lathair o cheann tri mìle bliadhna gur e gaisgeach fuasach laidir a bha ann an <eng>Atlas<gai>, agus gu robh e le neart iongantach, a cumail suas an iarmailt no na neamhan arda air a ghuailllean foghainteach, neartmhor, murrach. Bha taobh mu thuath <eng>Africa<gai> daonnan laidir 'us iomraiteach le 'ghaisgich, 's le neart, 'us le innleachdan mora ann an eachdraidh an t-saoghail o cheann iomadh, iomadh linn. Tha <eng>Herodotus<gai>, an t-eachdraiche Greugach dichìollach, firinneach, ag innseadh duinn gu do chuir Necho, aon de rìghrean na h-Eiphit, maraichean seolta air falbh leis an ordugh so, gu seoladh iad timchioll <eng>Africa<gai> gu leir. Ghabh na seoladairean ud an uine. B' abhaist doibh dol air tìr an sud agus an so agus siol a chur anns an talamh. Dh' fhanadh iad gus an tìgeadh am fogharadh leis an arbhar bhuidhe, bhoidheach, abuich. An uair a thrusadh iad am barr, bheireadh iad leo an coirce no 'n cruithneachd air bord an t-soithich anns an robh iad a' seoladh, agus rachadh iad air an aghairt air traighe <eng>Africa<gai> gus am feumadh iad a rithist biadh fhaotainn no 'thogail an achaidhean ura <eng>Africa<gai>. Ghabh na maraichean ud uine mhor anns an turus a rinn iad mu thimchioll <eng>Africa<gai>, gus fadheoidh, an do phill iad do 'n Eiphit a rithist, ann an slighe na Mara Ruaidh. Chitear gus an latha 'n diugh aite na claise uisge rinn Pharaoh, a bha deanadach, innleachdach, eadar Fairge meadhoin na talmhuinn agus an Fhairge Ruadh thar tairbeirt Shueis.

Tha aig an àm so fein gu cinnteach pailteas othail, 'us stri, 'us connsachaidh, 'us iomaguin mu dheibhinn <eng>Africa<gai> 'tuath 'us deas, 'us bho 'n airde 'n ear gu ruig an airde 'n iar. Shaoileadh duine tuigseach air bith bho cheann bliadhna no dha, gu buineadh <eng>Africa<gai> gu buileach do 'n Fhraing, 'us do 'n Ghearmailt, 'us do Bhreatunn; oir ghabh na rioghachdan so orra fein mor-roinn <eng>Africa<gai> 'roinn da rìreadh 'n am measg fein agus a reir an toil fein, gun cead no comhairle nan treubhan a tha 'gabhail comhnuidh air oirean agus ann an cridhe na dùthcha, iarruidh no 'ghabhail. Tha Breatunn daonnan caoimhneil 'us curamach mu na fineachan aineolach, bochd a tha 'tìghinn ann an cearna air bith fo 'riaghladh agus bho ughdarras Bhreatuinn. Is e latha grianach, soilleir, aghmhor tha 'dearrsadh air daoine air bith, co-dhiu 'tha iad breuna 's iargalta, no seimh 'us laghach, an uair a tha Breatunn a' sgaoileadh a trusgain cairdeil, onorach, caoimhneil, thairis orra. Gheibh iad saorsa 's tearuinteachd, 'us comas air teachd air an aghaidh ann an eolas agus samhchair anns gach nì 'bheir comhfhurtachd 'us beannachadh do 'n Innseanach aineolach, thruagh, agus do 'n duine mhorail a tha air a chuartachadh leis gach maoin, 'us prois. Aig beul na Fairge meadhoin na talmhainn, <eng>(Mediterranean Sea),<gai> tha <eng>Gibraltar<gai>-daigneach bunaiteach, dìongmhalta, corrach, ard. Ma dh' fhaoidte nach eil anns an t-saoghal gu leir, creag no daigneach co anabarrach laidir, sturrach, neo-ghluasadach ri <eng>Gibraltar<gai>. Tha corr 'us ceud bliadhna o'n fhuair na Breatunnaich coir le faobhar a' chlàidheimh air carraig ard, sheasmhach Ghibraltar. Cha do chaomhainn Breatunn

riamh sgil no airgiod ann an deanamh daighneich na carraige so le gunnachan mora 'us le callaidean laidir, diomhan 'us follaiseach; 'na culaidh uamhais do gach long 'us malairt a tha 'dol a stigh do 'n fhairge ud, no tha' 'tighinn a mach aisde. Cha 'n eil e comasach do long cogaidh, no do long air bith eile 'dol seachad air <eng>Gibraltar<gai> gun chead, oir ann an uine gle ghearr cuiridh a gunnachan mora, long no bata eascairdeach air bith gu iochdar na fairge. Thairis air an fhairge 'tha dealachadh na Roinn-Eòrpa agus Roinn <eng>Africa<gai> bho cheile, 's air na rioghachdan a tha mu 'n cuairt na fairge so, tha, agus bithidh, cumhachd neartmhor aig Breatunn do bhrìgh gu buin <eng>Gibraltar<gai> dise agus gu bheil i daonnan a gleidheadh feachd ullamh, meamnach, mearganta anns an daighneach so.

Is e Bhasco da Gama, 'rugadh ann am <eng>Portugal<gai>, a chaidh an toiseach mu thimchioll <eng>Africa<gai>, ann am 1498. O'n tha stoirmean iargalta, uamhasach, gle bhitheanta air taobh deas <eng>Africa<gai>, thug maraiche sonruichte Ros nan Stoirm mar ainm air ceann mu dheas na moir-roinne so. Rinn neach eile atharrachadh anns an ainm, agus thug e Ros an Deadh Dhochais, <eng>(The Cape of Good Hope),<gai> mar ainm air, agus lean an t-ainm nuadh so ris. Gus an deachaidh clais-uisge Shueis a' chladhach, 'us fhosgladh bho cheann deich bliadhna fichead, ma dh' fhaoidte, b' eiginn do gach soitheach-seolaidh 'dol mu 'n cuairt air taobh mu dheas <eng>Africa<gai>, am feadh a bha i air a turus gu <eng>India<gai>, gu <eng>China<gai>, gu Iapan no gu Astralia. Is e Frangach tapaidh, treubhach, innleachdach, aghartach, d' am b' ainm <eng>Lesseps<gai> a chladhaich le sgil, 'us durachd, 'us deothas miorbhuileach, claise-uisge troimh Thairbeirt Shueis. Tha gainmheach bheo air gach taobh de Shues, air choir is gu bheil e anabarrach duilich claise air bith a dheanamh, oir is gnath do 'n ghainmheach gach claise 'lionadh ann an uine gle ghearr. Shoirbhich le Lesseps. Chuir e crìoch fadheoidh, air claise-uisge Shueis. Choisinn e cliu 'bhitheas maireannach da fein, oir is e euchd maiseach, foghainteach a rinn e, 'nuair a dh' fhosgail e claise-uisge troimh Thairbeirt Shueis. Tha 'nis longan 'us malairt gun àireamh a' dol troimh Shues, agus a' ceangail ann am bannaibh daingeann an Roinn-Eòrpa, agus <eng>Asia<gai> agus Astralia. Cha 'n eil long-cogaidh no seolaidh a' dol mu 'n cuairt air Ros an Deadh-dhochais tuilleadh. Tha slighe gu mor a's giorra aca troimh Thairbeirt Shueis.

Tha morachd an t-saoghail so gle chaochlaideach da rìreadh. Bha 'n t-Iompaire Napoleon 'na charaid dileas agus faoilidh do Lesseps ann an cladhach claise-uisge Shueis. An uair a bha 'chlaise-uisge deas, dh' fhosgail a' Bhan-Iompaire Eugene, 'm bann a leig an t-uisge 'stigh do chlaise-uisge Shueis. Is e sealladh eireachdail, rioghail, maiseach a bha ann, am feadh a bha Iompaire 's Ban-Iompaire nam Frangach a lathair aig Sues, agus a' tabhairt an aghaidh fhabharach do obair aillidh, tharbhach, mhaith a bha 'nis crìochnaichte. Chaidh bliadhnaichean seachad. Chaill Napoleon a chrùn 'us a rioghachd. Fhuair e fardach ann an Sasunn, gus an tainig crìoch air a chuairt thalmhaidh. Tha 'Bhan-Iompaire Eugene fathast beo, 's a deanamh a dachaidh ann an Sasunn. Tha gach neach blath-chridheach, measail air a' Bhan-Iompaire a bha boidheach 'us rioghail re iomadh bliadhna, 's

a dh' fhuiling iomadh cruadail 'us deuchainn o'n dh' fhosgail i rathad an uisge 'tha lionadh claise-uisge Shueis gus an latha 'n diugh.

CONA.

[TD 258]

[Vol. 6. No. 33. p. 2]

Litir a <eng>Thorburn.<gai>

A CHARAIDE GHRADHAICH,—Dh' fhag mi air an t-seachdain 's a chaidh na doill ag innse dhomh cho toilichte 's a bha iad m' fhaicinn. Cha 'n eil teagamh nach e mi 'bhi na m' dhuine cho briagha 'thug an leithid de thoileachadh dhaibh.

De an uine, mata, a tha bho 'n a thoisich sgoil nan dall ann an Halifacs an toiseach? 'S e ceist fheumail a tha 'n so, oir tha e 'na ghnothach car iongantach an duthaich so a' bhi cho fada gun sgoil dhall. Tha deadh shoirbheachadh na sgoile bho 'n a thoisich i a' dearbhadh gu 'n robh daoine glice a' leirsinn an t-ana-ceartas a bha na doill a' faotuinn.

Anns a' bhliadhna 1867 dh' eug fear Uilleam Murdoch, seann mharsanta beairteach a mhuinntir Halifacs, ann an Lunnainn. 'Na thiomnadh dh' fhag e coig mile punnd Sasunnach gu cuideachadh air son sgoil dhall a' chur suas ann an Halifacs. B'e so a' chiad airgiod a thugadh seachad air son sgoil de 'n t-seorsa 'chur air bonn ann an Nobha Scotia. Rinneadh an sin comunn a' chur suas le Mr. M. B. Almon is daoine uaisle eile a' mhuinntir Halifacs gus an sgoil a' chur air adhart. Chuireadh cruinn leo so mu choig mile diag dolair, agus chaidh taigh a' chur suas far am bheil an taigh mòr an diugh.

Dh'fhosgladh an sgoil anns a' chiad mhios de 'n fhoghar, anns a' bhliadhna 1871. Cha robh an uair sin ach ceathrar sgoileirean acadhis ghillean agus dithis nigheannan. Tri bliadhna an deigh sin thainig beagan sgoileirean an nall as an Eilean agus a nuas a <eng>New Brunswick.<gai> Anns a' bhliadhna 1882—agus 's fuathasach nach d' rinneadh roimhe sin e—chaidh ionnsachadh nan dall ann an Nobha Scotia a' dheanamh saor le achd parlamaid, agus ciad gu leth dolair 's a' bhliadhna 'dhearbhadh do 'n sgoil airson a h-uile sgoilear a mhuinntir Nobha Scotia fhein a bhiodh innte. Anns a' bhliadhna 1890 rinneadh achd le parlamaid Nobha Scotia, a' toirt ceithir mìle dolair do sgoil nan dall gus an taigh a mhiadachadh; rud a chaidh a' dheanamh. 'S a bhliadhna chiadna dh' fhag J. P. Mott agus S. A. White dileab mhath aig an sgoil. Bho 'n bhliadhna 1892 tha parlamaid <eng>New Brunswick<gai> a' paigheadh ciad gu leth dolair 'sa bhliadhna air son gach sgoilear a thig a nuas á <eng>New Brunswick.<gai> Ach, rud a tha neonach, cha d' rinn parlamaid an Eilean an t-ionnsachadh saor do na doill fhathast! 'S coir do na h-uile Criosdaidh 'bhi 'g urnuigh nach bi 'chuis fada mar sin.

Tha mar thuirt mi, mata, mu chiad sgoilear ann an sgoil nan dall an drasda; 'an aite nan ceithir leis an d' fhosgail i 'n toiseach. Ach am bheil clann dhall Nobha Scotia, is <eng>New Brunswick,<gai> 's an Eilein, is <eng>Newfoundland<gai> anns an sgoil so uile? Their mi ann an so gur h-i mo bharaill nach eil, math dh' fhaoidte, moran 's a darna leth dhiubh ann. Cha 'n eil teagamh 'sam bith nach eil fuathas de chloinn air fhior dhroch fhradharc anns an duthaich nach eil anns an sgoil. Nise, cha 'n eil so idir ceart. Tha e 'na ghnathach nar nach fhaigheadh na creutairean bochda so cothrom cho math riu-san aig am bheil am fradharc. Bheir luchd-leughaidh MHIC-TALLA fainear gu 'm bheil mi 'n drasda 'bruidhinn-cha 'n ann a mhàin m' an fheadhainn a tha dall buileach, nach aithnich an latha bho 'n oidhche-ach m' an chloinn aig nach eil gu leor de fhradharc gu dol do 'n sgoil chumanta agus leughadh, sgriobhadh, is cunntas ionnsachadh. Cha 'n eil teagamh nach eil fuathas diubh so ann nach deach fhathast do sgoil nan dall. Chithear so 'n uair a bheir sinn fainear cho beag sgoileirean dalla 's a tha siorramachdan an ear Nobha Scotia a' cur do 'n sgoil. 'Se so an àireamh a tha iad a' cur ann: Guysborough, 7; Antigonish, 1; Inbhirnis, 1; Victoria, 0; Ceap Breatunn, 1; Richmond, 1. De a's reusan gu 'm bheil urrad diubh so ann nach eil ann an sgoil nan dall? Tha iomadh aobhar ann a dh' fhaodamaid a' thoirt seachad, ach, cho fad' 'sa 's leir domhsa, 's iad na reusannan a leanas a's bitheanta 'tha cumail nan truaghan so air ais.

Anns a' chiad aite, tha cuid da pharantan ann a tha buileach saidealta mu aideachadh gu 'm bheil fìor dhroch fhradharc aig gin de na gillean aca, no idir, idir aig gin de na h-igheannan. Faodaidh duine dall a' bhi 'n aon taigh ris an t-seorsa pharantan so fad bhliadhnaichean gun fhios do na coimhearsnaich. 'S e buil a' ghnathach gu 'm bi 'n dall bochd 'na bhaothalan truagh gun sgoil gun ionnsachadh, 'an aite 'bhi anns an sgoil far am faigh e cothrom, ma tha eanchainn mhath 'na cheann, air a bhi 'na chuideachadh dha fhein, 'na onair d'a pharantan, 'na chreideas d'a dhuthaich.

Anns an darna h-àite, tha feadhainn de 'n bheachd nach eil ri 'chur do sgoil nan dall ach iadsan 'tha dall gu buileach; iadsan nach fhaic sion idir. Tha gach aon a tha dhe 'n bharaill so gu mòr ann am mearachd.

Anns an treas aite, tha 'chuid a's mòr dhe 'n t-sluagh ann am beachd gu 'm bheil aca ri suim mhòr a' phaigheadh air son an duine cloinne ma chuireas iad e do sgoil nan dall. Cumadh iad so 'n an cuimhne gu 'm bheil parlamaid Nobha Scotia a' dearbhadh ciad gu leth dolair 's a bhliadhna do 'n sgoil air son a h-uile sgoileir a th' innte a mhuinntir Nobha Scotia fhein.

Anns a' cheathramh aite, tha 'leithid de 'n bheothach ann an cuid de pharantan 's gu'm bheil iad 'an duil gu 'm bheil ceann sios ri 'chumail air duine cloinne air an do leag Dia uireasbhuidh. Tha e 'na ghnathach muldach gu'm bheil 's gu 'm bi parantan de 'n t-seorsa so ann.

Tha e ceart agus iomchuidh, mata, gu 'm faigheadh na doill cothrom

air ionnsachadh cho math ri cloinn eile. Tha h-uile cothrom aca 'an sgoil nan dall ann an Halifacs. Cha 'n fhiosrach mise sion nach fhaod iad ionnsachadh innta, ach am peacidh agus Gàilig. Tha iad ag ionnsachadh leughaidh, sgrìobhaidh, cunntais, gramair, eachdraidh, cruinne-eolas agus ceairdean. Cha 'n eil nadur rud nach dean iad. Chunnaic mi iad ri seathraichean, sguaban-aodaich, bascaidean, agus faodaidh mi 'radh, gach seors' obrach. Theid aca mar so air am beolaind a dheanamh gun a bhi 'nan uallach air duine 'sam bith.

Tha aon earrann ionnsachaidh ann, agus 's briagha da rìreadh e, a tha tighinn anabarrach nadurra do na doill: 's e sin eachdraidh. Thuirt fear de 'n luchd-teagaisg ann an Halifacs rium gu 'n robh e gach oidhche 'leughadh eachdraidh Bhreatuinn gu aon uair diag no meadhon-oidhche. Tha 'n duine so cho dall 's nach dean e 'mach an latha bho 'n oidhche. "Tha aon rud 'n ad fhabhar," thuirt mi ris; "faodaidh tu do leor eachdraidh a' leughadh gach oidhche gun suim mhor a' bhi 'n ad aghaidh air son soluis." 'S rud eibhinn fear diubh sid fhaighinn 'na shuidhe 'na rùm mu mheadhon oidhche, gu dubh, dorcha, a' leughadh eachdraidh. Tha na litrichean 'n an cuid leabhraichean air an togail, agus 's e 'n doigh leughaidh a th' aca, am meoirean a ruith thairis orra.

Cha 'n eil tuilleadh agam ri radh mu sgoil nan dall ach aon fhacal m' an creideamh. Tha a h-uile aidmheil saor gus an creideamh fhein a' chleachdadh. Air Di-dònaich tha an Sgoil-Dhonaich fhein aig gach creideamh. Tha ministeirean de gach seorsa 'dol a' theagasg d' an luchd aidmheil fhein. Tha fear de shagairt paraiste St. Mary's a' dol gach Donach a' theagasg nan Caitliceach.

Co-dhunaidh mi 'n litir so le beagan innse d' ur luchd-leughaidh mu 'n bhoirionnach ainmeil sin, <eng>Helen Keller<gai>, a tha, cha 'n ann a mhàin dall, ach bodhar cuideachd. Rugadh i anns na Stàitean, ann an aite ris an canar <eng>Tuscumbia<gai>, 'an <eng>Alabama<gai>, air an 27mh là de Iun, 's a bhliadhna 1880. Cha 'n eil i uime sin, ochd bliadhn' diag fhathast. Bha a parantan ann an cothrom math. B' ise an ciad duine cloinne. 'S ann á Switserland a thainig a seanair, Daidh Keller. Phos e Mairi Fairfacs Moore, (seanmhair <eng>Helen<gai>), dluth bhana-charaid do Mhajor-General Raibeart E. Lee, ann an <eng>Virginia<gai>. 'S ann a mhuinntir stàit <eng>Mhassachusetts<gai> a bha cuideachd a màthair. Bu daoine talainteach iad, bharr a cheile, agus bha daoine gle ainmeil 'n am measg.

Cho fad 's a rinneadh a mach, 'n uair a rugadh <eng>Helen<gai> bha a fradharc 's a claisneachd aice cho math 's a bh' aig leanabh eile. Ach an uair a bha i mu ochd mìosan diag ghabh i droch thinneas, agus air d'i fàs gu math, fhuaradh gu 'n robh i mach 'sa mach dall agus bodhar. Anns a' bhliadhna 1887 chuireadh i fo chùram <eng>Miss A. M. Sullivan<gai>. Bha a bhan-Shullivanach so i-fhéin 'na boirionnach a bha air bhi dall fad cunntas mòr bhliadhnaichean, ach le sgil

dhotairean matha, a fhuair a fradharc air ais. Bha i seachd bliadhna ann an sgoil nan dall ann an <eng>South Boston.<gai> Bha i 'na boirionnach tùrail agus dileas, ro-mhath ann an sgoil nan dall, agus uime sin, buileach freagarrach gu <eng>Helen Keller<gai> a' ghabhail o's laimh. Dhearbha a bhan-Shullivanach i-fhéin 'na bean-teagaisg air leth math. Cha robh <eng>Helen<gai> fada gus 'na dhearbha i i-fhéin 'na boirionnach aig an robh inntinn buileach soilleir agus eanchainn dhomhain. Gu naigheachd ghoirid a' dheanamh dheth, tha <eng>Helen Keller<gai> an diugh ard ann an ionnsachadh. Theid aice air tri cànanan a' bhruidhinn gu math. 'S duilich leam nach eil Gàilig aice. Tha i anabarrach ann an eachdraidh. Ach ciamar a theid aice air seanachas a' dheanamh 'n uair nach cluinn i 'n rud a theirear rithe? Thuirt mi ann am litir air an t-seachdain s'a chaidh nach eil am facal "balhan" 'ga chleachdadh air an latha 'n diugh idir. C'arson? A chionn gu 'n gabh iadsan a tha bodhar ionnsachadh air bruidhinn feadhach eile 'thoirt a stigh le 'n sùilean. Ach an uair a tha na cluasan bodhar agus na suilean dall, de ni iad 'an sin? Anns a' chàs sin theid aca air ionnsachadh an seanachas a' thoirt a stigh le 'm meoirean. Tha so air a dhearbhadh le Helen Keller, agus bha e air a dhearbhadh le <eng>Laura Bridgman<gai> roimpe.

An uair a tha <eng>Helen Keller<gai> a' dol a' bhruidhinn ri duine, tha i 'breith air m' an bhial 's m' an sgòrnan. Faodaidh duine 'n sin a leor seanachais a' dheanamh rithe, ann am Beurla, 'an Gearmailt, no 'am Frangais. Bruidhnidh i cho math ri duine 'sam bith, agus tha feadhainn a chunnaic i ag innse dhomh gu 'm bheil i 'na boirionnach fuathasach toilicht' anns gach doigh.

Tha Dia math. Ma dhuineas E bealach, fosglaidh E bealach eile.

UILLEAM IAIN OIG.

<eng>Thorburn,<gai> an t-8 là dhe' n earrach, 1898.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. V.

Dh' iomair sinn cho math 's a b' urrainn sinn, agus an ùine ghoirid chaidh sinn cho fad o thir 's nach ruigeadh na famhairean oirnn. Ach ged a fhuair sinn as o na famhairean, bha sinn ann an cunnart a bhith air ar bathadh a h-uile mionaid; oir eadar ainneart nan tonn agus a ghaoth laidir a dh' eirich anns an am, bha 'n rath air a tilgeadh a null 's a nall, agus bha ar diol againn greimeachadh ris. Bha sinn fad latha 's oidhche anns an t-suicheachadh through so. Mu dheireadh chuir an sruth 's a ghaoth sinn gu cladach eilean, agus bha sinn gle aoibhneach an uair a fhuair sinn air tir ann. Fhuair sinn am pailteas de mheasan anns an eilean, agus thug so misneach agus neart dhuinn.

An uair a thainig am feasgar, chaidil sinn air bruaich a chladaich. Ach dhuisgeadh sinn leis an fhuaim a bha nathair a' deanamh. Bha an nathair so cho fada ri craobh-phailme, agus an uair a bha i 'snaigeadh, bha na lannan a bh' oirre a' deanamh fuaim a chuireadh eagal air duine. Mu 'n do tharr sinn sealtainn ugainn no uainn, rug i air fear dhe mo chompanaich, agus a dh' aindeoin na spairn agus na glaothaich a bha e 'deanamh, chum i greim air. Ged a theich mi fhein agus mo chompanach astar math air falbh, bha sinn a' cluinntinn an fhuaim a bh' aig na cnamhan aige an uair a bha i 'ga chagnadh.

Air an ath latha chunnaic sinn an nathair a' tighinn an rathad a bha sinn. "O chruitheachd, arsa mise, "nach sinn a th' anns a' chunnart! Bha sinn an de a' deanamh gairdeachas a chionn gun deachaidh sinn as o 'n fhamhair, agus o'n ghabhadh anns an robh sinn air an fhairge, ach tha sinn a nis air tuiteam ann an cunnart moran na 's mo na na cunnartan anns an robh sinn."

An uair a bha sinn a' coiseachd mu 'n cuairt, chunnaic sinn craobh mhor, agus shuidhich sinn gu'n cuireamaid seachad an oidhche innte, a chum nach fhaigheadh an nathair greim oirnn. Dh' ith sinn na thainig ruinn dhe na measan a chruinnich sinn, agus dhirich sinn suas do 'n chraoibh cho ard 's a b' urrainn duinn. Ann an co-thrath na h-oidhche thainig an nathair gu bonn na craoibhe, agus srann eagallach aice. Dhirich i suas ris a chraoibh, agus thug i leatha mo chompanach, agus dh' ith i e.

Dh' fhan mise ann am fìor bharr na craoibhe gus an d' thainig an latha. An sin thainig mi 'nuas, agus bha mi na bu choltaiche ri duine marbh na ri duine beo, oir bha mi an duil gu'n tachradh a' cheart ni dhomh 's a thachair do m' dhithis chompanach. Bha leithid de dh' uamhas orm 's gu'n do smuainich mi gu'm b' fhearr dhomh mi fhein a bhathadh. Ach bha leithid de cheangal agam ri mo bheatha 's nach do gheill mi do 'n bhuaireadh so. Chuir mi romham gu'm fagainn mi fhein ann an lamhan Dhe gus an cuireadh e crìoch air mo bheatha mar a chitheadh e iomchuidh.

Gun dail sam bith thoisich mi ri cruinneachadh meanglain chraobh is dhrisean 's a h-uile ni eile a gheibhinn, agus rinn mi cro timchioll na craoibhe gus an nathair a chumail uam. Cheangail mi am fiodh so ris na meanglain, agus an uair a shaoil mi gu'n robh a' chro laidir gu leor gus an nathair a chumail uam, chaidh mi steach innte. Cha robh agam de dh' aobhar toileachaidh ach gu 'n d' rinn mi gach ni a ghabhadh deanamh a chum mo bheatha dhion o'n uile-bheist.

An uair a thainig am feasgar, thainig an nathair mar a b' abhaist dhi, agus chaidh i timchioll na craoibhe an duil gu'm faigheadh i cothrom air m' itheadh; ach an uair a chunnaic i nach robh cothrom aice air faighinn 'nam choir, stad i 'g am fheitheamh mar gu'm biodh cat a' feitheamh luchann. An uair a shoilleirich an latha, dh' fhalbh i; ach cha bu dana leam falbh as an aite 's an robh mi gus an d' eirich a' ghrian.

Bha mi gle sgith an deigh na fhuair mi de dhragh 's de shaothair a' deanamh aite tearmuinn dhomh fhein an latha roimhe sid; agus a

bharrachd air sin, bha mi gun norradh cadail fad na h-oidhche, agus bha 'm faileadh breun a bha bhar na h-analach aig an nathair an impis mo thachdadh. Aig an am b' fhearr leam a bhith marbh na bhith beo. Thainig mi 'nuas as a' chraoibh, agus o nach robh a chuimhne bu lugha agam gu'n d' earb mi mi-fhein an latha roimhe so ri curam agus ri freasdal Dhe, ruith mi thun a chladaich gus mi-fhein a thilgeadh an comhair mo chinn a mach air a mhuir. Ach ghabh Dia truas dhìom, agus dìreach an uair a bha mi 'dol g' am bhathadh fhein, thug mi an aire gu 'n robh long a' seoladh seachad dluth air an eilean. Thoisich mi ri glaothaich cho cruaidh 's a b' urrainn mi, agus ri smeideadh le mo cheann-aodach, feuch an tugadh iad an aire dhomh. Gu fortanach chual' iad mo ghlaodhaich, agus chuir an sgiobair bata g' am iarraidh.

Cha bu luaithe 'chaidh mi air bord na chruinnich na marsantan agus na seoladairean mu 'n cuairt orm a dh' fheorach dhìom cia mar a thachair dhomh a bhi air an eilean fhasail ud. An uair a dh' innis mi dhaibh a h-uile car mar a dh' eirich dhomh, thuirt an fheadhainn bu shine dhiubh rium, gu 'n cual' iad iomradh air na fahairean a a bha fuireach anns an eilean, agus gu 'm biodh iad ag itheadh nan daoine; agus gu 'm bu cho math leotha an itheadh amh ri 'n itheadh air an rostadh. Thuirt iad mar an ceudna gu'n cual' iad gu'n robh moran nathraichean air an eilean, agus gu'm biodh iad 'g am falach fhein air an latha, agus a' tighinn a mach as na tuill air an oidhche.

Bha gach aon a bh' air bord gle thoilichte gu'n d' fhuair mi as na cunnartan lionmhor 's an robh mi. Thugadh dhomh am biadh a b' fhearr a bh' air bord, agus an uair a chunnaic an sgiobair gu'n robh an t-aodach a bh' orm air a dhol 'na luideagan, thug e dhomh deise mhath dhe na bh' aige fhein.

Bha sinn greis mhath air muir, agus thaghail sinn ann an caochladh eileanan. Mu dheireadh chaidh sinn air tir ann an eilean do 'm b' ainm Salabat. Cha bu luaithe dh' acraich sinn na thoisich na marsantan ri cur a bhathair a chur gu tir gus a reic, no malairt a dheanamh leis.

Anns an am thainig an sgiobair far an robh mi, agus thuirt e, "A bhrathair, tha bathar agam air bord a bhùineas do mharsanta a bha aon uair a seoladh comhladh rium air an luing so. Agus o nach 'eil e beo, tha mhiann orm a reic a chum gu'n toir mi na gheibh mi air a shon do na cairdean a's dluithe a bh' aige, an uair a gheibh mi fios co iad."

Bha 'm bathar a bha e 'g ainmeachadh 'na thorr faisg oirnn, agus an uair a chomh-

(Air a leantuinn air taobh 262.)

[TD 260]

[Vol. 6. No. 33. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 11 FEBRUARaidH 1898.

Litir a Ontario.

FHIR-DEASACHAIDH:—Tha na seann daoine ag radh gur e a cheud da sheachdain de Februaraidh agus an da sheachdain mu dheireadh de Ianuaraidh mios nam faoileach. Tha mi cinnteach gur e fuachd mor a tha am facal "faoileach" a ciallachadh, agus ma 's è cha'n eil an droch ainm air idir. Bha fuachd mor againn an so o chionn da sheachdain air ais. Bha an <eng>thermometer<gai> a leigeil ris gu'n robh an reothadh cho mor 's gu'n robh e 15° fo <eng>zero<gai>, agus tha an sneachda gle dhomhainn; tha na roidean a fas gu math àrd ann an corra àite.

Cha-n eil naigheachdan mor sam bith agam air an àm so, agus ma dh' fhaoidte gu bheil sin cho math. Bha mi a leughadh litir "Mhurachaidh"—chuir e fein "Cam" ri ainm ach fàgaidh mise sin as; bha e toirt seachad Beurla an da dhuine choir a choinnich a cheile. Chuir sud am chuimhne sgeul beag a chuala mi air da dhuine choir a bha againn an so còrr agus da fhichead bliadhna air ais, da 'm b' ainm Eobhan Mor agus Iain Mor. Bha daoine an uair sin na b' fhearr gu tighinn a dh' amharc a cheile na tha iad a nis. Thainig Eobhan aon mhaduinn bhoidheach anns an earrach a dh' amharc Iain, mar gu tric a thainig e. Chuir iad failte chridheil air a cheile an toiseach anns a Ghailig, agus an sin thoisich iad air a cheile fhiosrachadh anns a Bheurla. 'Se Iain a labhair 'sa Bheurla 'n toiseach:—<eng>"What's news Hooey,"<gai> ars' Iain, <eng>"Big news,"<gai> ars' Eobhan, <eng>"Ay, ay,"<gai> ars Iain, <eng>"what is they be?"<gai> agus mar sin sios. 'Nan deanadh a h-uile aon aig a bheil beagan Gailig feum di mar a rinn na seann daoine so de'n Bheurla bhiodh barrachd Gailig ann 's a th' ann, agus air an laimh

eile 'nam biodh na seann daoine toileach air Beurla ionnsachadh bha cothrom gu leor aca air sin a dheanamh—gabhadh iad mo leisgeul, tha iad cho eagallach air facail Bheurla a chluinntinn na labhairt 's gu bheil iad a toirt orra fein a chreidsinn nach gabhadh Beurla cur nan ceann idir. Cha'n eil e dol a mhilleadh Gailig duine Beurla 'bhi aige 's cha mho a mhilleas moran Gailig a Bheurla. Their mi so: cummadh duine suas a chanain fein air tus, oir cha'n eil cànan ann cho blasda ri cainnt ar màthar.

Ma dh' fhaoidte gu'n dubhairt mi tuilleadh 's a choir, agus sguiridh mi an tràs'. Cluinnidh tu bhuam gun dàil a ris ma bhios mi gu math. Beannachd leat. Is mi do charaid,

IAIN MACILLEASBUIG.

<eng>Priceville,<gai> 3, 2, '98.

Chaidh ionnsuidh a thoirt air am banca robaigeadh ann an Sidni tuath a sheachdain gus an dé. Thainig duine stigh beagan roimh shia uairean feasgar 'nuair nach robh a stigh ach an cleireach, W. S. Domhnullach, agus chaidh e stigh do'n rùm anns an robh an t-airgead an gleidheadh. Ghabh an cleireach a stigh 'na dheigh feuch co e, agus thachair e air a tigh'nn a mach 's am bocsa 'san robh an t-airgead aige fo achlais. Ghabh an cléireach an sàs ann agus ged a fhuair e droch bhuille a chaidh faisg air a chur ann an laigse, chuir e 'n teicheadh air an robair, a fàgail an airgid as a dheigh. Cha d' fhuair e sgeul air fhathast. Bha mu shia mìle dolair anns a bhocsa.

Tha cuideachd a ghuail an deigh òrdugh a thoirt Meinn Victoria a dhùnadh, agus tha e coltach air an turas so nach eil a dhol uaithe aice. Ach tha iad ag radh gu bheil iad a dol a dh' fhosgladh mèinn ùr mu mhìle bho'n t-seana mhèinn, agus a dol a thogail rathad-iaruinn uaipe dh' ionnsuidh an rathaid a tha eadar Sidni agus Louisburg. Tha fossladh na mèinn' ùire dol a chosg \$75,000 dhaibh, agus 'nuair a bhios i sin air obair bidh timeannan na's fhearr aig mèinneadairean <eng>Victoria<gai> na bh' aca riamh roimhe. Tha sinn an dòchas gu bheil so fìor.

Tha fios a tìghean á Guatemala, gu robh fear-riaghlaidh na dùthcha sin, an Seanalair Barrios, air a mhort o chionn ghoirid. Tha Guatemala air aon de dh' àireamh de rioghachdan beaga a tha ann an America Mheadhonach, rioghachdan anns am bheil an sluagh an còmhnuidh an-fhoiseil agus doirbh an cumail aig sith.

Tha an càs aig <eng>Emile Zola<gai> a dol air adhart ann am <eng>Paris<gai> air an t-seachdain so. Gu ruige so cha d' fhuair e moran soluis air càs Dhreyfus. Tha an sluagh, eadhon na fir-lagha, gle mhi-riaghailteach mu thigh na cùrtach, agus cha'n eil fhios cuin a dh' fhaodas iad bristeadh a mach.

Aig <eng>Highland,<gai> faisg air Moncton, N. B., bha seana bhean, bean Uilleam Gharland, air a losgadh gu bàs a sheachdain gus a bhòn-raoir. Chaidh lampa na teine, agus ghreimich an lasair air a cuid

aodaich-se. Bha i-fhein 's a fear-pòsda a fuireach leotha fhéin.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan,
<eng>Rubbers,<gai> no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort?
Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile,
agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a
rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 261]

[Vol. 6. No. 33. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha seachd ceud deug àite anns am bheilear a tiormachadh agus a sailleadh éisg ann an Nobha Scotia 's an Ceap Breatunn, agus tha mu cheithir mìle duine a' faotainn obair annta.

Tha dùil ri àireamh mhor de thuathanaich Dhakota a dhol air imrich do 'n Iar-Thuath air an earrach s'a tighinn. Tha cuid dhiubh ann an Ottawa an dràsda a' deanamh còrdadh ris an Riaghladh a thaobh fearainn air am bheil iad air son suidheachadh.

B'e \$832,240 an teachd a steach a bh' aig Riaghladh Nobha Scotia air a bhliadhna s'a chaidh, agus b'e \$853,968 an t-suim a chosgadh fad na bliadhna. Chaidh a' mhor-roinn mar sin \$21,728 anns na fiachan, ach theagamh gu 'n deanar sin suas air a bhliadhna so. Cha 'n eil an t-suim ud air a meas gle mhor leothasan a tha eòlach air cùisean-riaghlaidh.

Tha <eng>telegraph<gai> air a h-ùr-fhosgladh eadar Halifax agus eilean <eng>Jamaica<gai>, anns na h-Innsean an Iar. Roimhe so cha robh dòigh air "fios-dealain" a chur do 'n eilean sin ach troimh na Stàitean, ach tha 'n <eng>telegraph<gai> ùr so a' ruith troimh 'n chuan, agus gun a dol an còir fearainn sam bith nach buin do Bhreatuinn. An ùine ghoirid bidh i ruigheachd gach aon de na h-eileanan eile.

An taobh a stigh de naodh miosan, chaill Domhnall Mac Leòid, <eng>Kempt Head,<gai> air an Eilean Mhor, dithis mhac, fear dhiubh air dòigh gle mhuladach. Deireadh <eng>April<gai>, an uiridh, chaochail a mhac Domhnall anns an <eng>Transvaal<gai>, an ceann a deas <eng>Africa<gai>, anns an ochdamh bliadhna deug air fhichead de 'aois. Air an treas latha deug dhe 'n mhios s'a chaidh bha mac eile dha, Iain, air a mharbhadh ann an mèinn an <eng>Anaconda<gai>, am <eng>Montana<gai>. Bha sianar eile air an dùnadh a stigh 'sa mhèinn leis an spraidheadh a dh' aobharaich a bhàs-san, ach fhuair e g' an ionnsuidh an àm gus an sàbhaladh.

Tha exhibition ri bhi ann a Halifax am bliadhna rithist, ann an deireadh <eng>September<gai>, aig am bi sia mìle deug dolair air a thoirt seachad mar dhuaisean. Cha robh a mhor chuid de mhuinntir na dùthcha gle riarachaidh leis mar a bha na duaisean air am buileachadh an uiridh; bha tuilleadh s'a chòir dhiubh air an roinn air nithean nach eil a chum moran feuma do 'n dùthaich. Cha robh ach fìor bheagan airgeid air a thoirt seachad mar dhuaisean air son éisg, ged is ann air an iasgach a tha moran de mhuinntir na mor-roinne a' deanamh am beòthachd; ach tha sinn a tuigsinn gu bheil barrachd dhuaisean ri bhi air an toirt seachad air son éisg am bliadhna. Faodar a thaing sin a thoirt do 'n Onarach Uilleam Ros, a chuir gu làidir an aghaidh an dearmaid a rinneadh air an iasgach aig <eng>exhibition<gai> na bliadhna 'n uiridh.

O chionn àireamh bhliadhnaichean air ais, chaidh tòiseachadh air rathad-iaruinn a thogail tarsuinn an amhaich chaol fhearainn a tha eadar <eng>Bay Verte<gai> agus am <eng>Bay of Funday,<gai> air am biodh soithichean air an giùlan cruinn cothrom as an darna uisge dh' ionnsuidh an uisge eile, astar trì mìle deug. Bhatar a' deanamh a

mach gu 'm biodh e 'na dheisealachd mhor do shoithichean faotainn tarsuinn mar sin, seach mar a th' aca ri dheanamh an dràsda, seòladh timchioll Nobha Scotia. Chaidh moran obrach a dheanamh air an rathad sin, ngus chosgadh roinn mhath airgeid ris, ach o chionn dha no tri bhliadhnaichean air ais chaidh stad air. Fhuair a' chuideachd a bha 'ga chur air adhart tuilleadh ùine air son an obair a chrìochnachadh o àm gu àm, ach am bliadhna dhiùlt an t-Ard-Riaghladh an còir dàil a chur anns a' ghnòthuch, agus tha 'n obair uime sin, ri bhi air a tréigsinn gu buileach.

Tha 'n Caraghus a tòiseachadh air an treas latha fichead dhe n mhios so. 'S e 'n latha sin Di-ciaduin na Luathainn. Tha Di-dònaich na Caisge a tighinn am bliadhna air an deichead latha do dh' April.

Bha an sneachda na chitheachan mora air sràidean a bhaile, an deigh stoirme na seachdain s'a chaidh. Chaidh daoine chur a dh' obair toiseach na seachdain so 'ga chothromachadh, ach tha na h-uirid dhe ann 's gu bheil na ròidean gle dhona, lan chnocan us lagan.

Tha muinntir <eng>Ontario<gai> gu bhi taghadh pàrlamaid ùr air a' cheud latha dhe 'n Mhàrt. Tha iadsan a th' anns an dreuchd aig an àm so gu math na 's laige na b' àbhaist dhaibh a bhi a thaobh Sir <eng>Oliver Mowat<gai> a bhi 'g an dith, agus mar sin tha e doirbh a dheanamh a mach ciamar a theid dhaibh.

Bha còrr us da cheud 's da mhuillean air fhichead dolair (\$222,000,000) aig muinntir Chanada anns na bancaichean-cùmhnaidh toiseach na bliadhna so. Tha sin coig muilleanan fichead a bharrachd air na bha 's na bancaichean toiseach aa bliadhna 'n uiridh. Agus 's ann a sior dhol am meud a tha 'n t-suim. Tha so 'na chomharradh gu bheil cùisean a' soirbheachadh gu math leis an t-sluagh. Cha robh an soirbheachadh cho mor anns a' chuid an ear dhe 'n dùthaich, ach tha dòchas againn gu bheil latha na h-earainn sin a nise gle fhaisg air laimh.

Tha 'n t-Ard-Riaghladh an dùil leth-cheud mile dolair a chur air leth am bliadhna air son ionnsachadh-airm a thoirt do iasgairean nam mor-roinnean iseal. Tha iadsan a gheibh ionnsachadh mar sin ri bhi deiseil gu dhol do 'n arm-mhara Bhreatunnach uair sam bith a chuirear feum orra. Tha làn àm aig Canada ni-eigin a dheanamh air son i-fhéin a dhion o naimhdean. Riamh roimhe so bha Breatunn 'ga dìon-air a mhuir co-dhiu-gu saor agus a nasguidh. Ach tha Canada a nise 'na dùthaich mhor, làidir i-fhéin, agus is còir dhi oidhearp a thoirt air an dùthaich mhàthaireil a chuideachadh.

Dh' fhosgail ard-phàrlamaid Chanada ann an Ottawa a sheachdain gus an dé. Bha àireamh mhor cruinn ag éisdeachd ris an Oraid o'n Chathair, barrachd mor 'sa b' àbhaist a bhi ann bliadhnaichean eile. Anns an Oraid tha iomradh air a thoirt air an t-soirbheachadh a tha 'n dùthaich a mealtuinn. Thatar a' gealltuinn caochladh nithean; am measg chàch tha rathad-iaruinn ri bhi air fhosgladh 'dh' ionnsuidh a Chlondaic air am faigh daoine falbh us tighinn gun a dhol bhar fonn Chanada, ni a bhios 'na bhuanachd mhor do 'n dùthaich. Thatar mar an ceudna dol a thoirt cothrom do 'n t-sluagh innse an àill leotha reic

agus ceannachd deoch làidir a bhacadh. Feuchaidh sinn o àm gu àm ri iomradh a thoirt air na nithean a s cudthromaiche bhios a dol air adhart anns a phàrlamaid.

LEIGHEAS BUAN.

Sgrìobh an t-Urr. <eng>Hy. Carter, Maddock, Springfield, P. E. I., <gai> mar a leanas, ann an Iun, 1895:—"Cha'n urrainn do m' mhnaoi labhairt tuilleadh us math mu K. D. C. an deigh na rinn e air a son. Dh' fhuiling i le droch stamaig, agus bha i ann am pian mor, cho mor 's nach b' urrainn dhi a cuid aodaich a chumail uimpe, agus smaoinich mi gu 'm faighinn K. D. C. dhi. Cha robh turas a ghabhadh i e nach robh e 'deanamh feum dhi, agus fada mu 'n do chuir i crìoch air da bhotull bha i air a leigheas, agus theid aice nis air rud sam bith ithe."

Tha an litir so a nochdadh an éifeachd a th' ann an K. D. C. agus tha 'n té a leanas ag innse gu bheil an leigheas buan. Sgrìobh <eng>Mr. Carter<gai> Iulaidh 31, 1895, còrr us bliadhna 'n deigh so, "Chuir mi roimhe so litir uguibh ag innse mar a leighis K. D. C. mo bhean. Tha i fhathast slàn, 's gu'n a seann eucail a cur dragh sam bith oirre." Sibhse tha tinn feuchaibh e. Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air son tinneasan cuim.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am <eng>Boston<gai> 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

[TD 262]

[Vol. 6. No. 33. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 259.)

arraich e 'mach dhomh e, thuirt e, "Reic thusa e cho math 's theid agad air, agus paighidh mise thu air son do shaoithreach." Thug, mi taing dha air son gu'n d' thug e dhomh cothrom air a bhith 'g obair, oir bu bheag orm a bhith 'nam thamh.

Chuir an cleireach a bh' air bord sios aireamh nam pocannan bathair, agus ainm gach fir do 'm buineadh iad 'na leabhar: agus an uair a dh' fheoraich e dhe 'n sgiobair co 'n t-ainm a bh' air an fhear do 'm buineadh am bathar a bha mise gus a reic, thuirt e, "Buinidh, e do Shindbad, an Seoladair."

An uair a chuala mi bhith 'g am ainmeachadh ghabh mi iognadh gu leor: agus an uair a ghabh mi beachd air an sgiobair gu math, dh' aithnich mi gur e dh' fhag 'n am chadal air an eilean mi. Ach o 'n a thainig atharrachadh mor air o'n chunnaic mi mu dheireadh e, cha do shaoil mi an toiseach gur e bh' ann.

Ach o 'n a bha esan a' smaointean gu 'n robh mi marbh, cha robh iognadh sam bith orm ged nach d' aithnich e mi.

"Ach, a sgiobair," arsa mise, "an e Sindbad a b' ainm do 'n duine do 'm buineadh am bathar so?"

"Is e," ars' esan, "thainig e a Bagdad, agus chaidh e air bord comhladh rium ann am Balsora. Air latha araidh an uair a chaidh sinn gu tir ann an eilean a dh' iarraidh uisge, dh' fhag sinn gun fhios

dhuinn anns an eilean e. Cha d' thug mise no na marsantan a bh' air bord an aire gu'n robh e 'g ar dith gus an robh sinn air seoladh greis mhath air falbh o 'n eilean. O 'n a bha soirbheas laidir 'n ar deigh cha robh e comasach dhomh tilleadh g' a iarraidh."

"Bha thu 'smaointean gu 'n robh e marbh gun teagamh," arsa mise.

"Bha gu dearbh," ars' esan.

"Cha 'n eil e marbh idir, a sgiobair," arsa mise; "seall ormsa, agus faodaidh tu aithneachadh gur e mise <eng>Sinbad<gai> a dh' fhag thu air an eilean fhasail ud. Thuit mi 'n am chadal ri taobh aimhne beagan an deigh dhuinn a dhol air tir, agus an uair a dhuisc mi bha 'n long gu bhith as mo shealladh."

An uair a bha 'n sgiobair greis a beachdachadh orm dh' aithnich e mi, agus an uair a ghlac e mi 'na ghairdeanan, thuirt e, "Moladh do Dhia air son gu'n do ghabh e 'na fhreasdal curam dhiot ged do dhichuimhnich mise thu. Tha do chuid bathair an sid. Ghabh mise curam dheth cho math 's a b' urrainn dhomh, agus rinn mi malairt leis anns gach baile-puirt anns an robh mi. Tha mi 'g a libhrigeadh dhut comhladh ris na bhunaich mi leis a' mhalairt."

Ghabh mi am bathar uaithe, agus thug mi mi mile taing dha air son a dhragha 's a churaim.

Sheol sinn a Salabat gu ruige eilean far an do cheannaich mi spiosradh dhe gach seorsa.

Chunnaic sinn iomadh ni iongantach anns an eilean so; ach cha 'n 'eil aobhar dhomh a bhith 'g an ainmeachadh.

Gu sgeula goirid a dheanamh dheth, an deigh na h-uine fhada a bha mi air falbh, rainig sinn Balsora mu dheireadh, agus as a sin thainig mi gu ruige Bagdad: agus bha mo shaibhreas cho mor 's gur gann a rachadh agam air a chunntas. Thug mi suim mhor do na bochdan, agus cheannaich mi oighreachd mhor fhearainn."

An uair a chuir Sinbad crìoch air eachdraidh an treas turuis-cuain a ghabh e, thug e ceud bonn oir eile do Hindbad, agus dh' iarr e air tighinn an la-iar-na-mhaireach gu 'dhinnoir a chum 's gu 'n cluinneadh e eachdraidh a cheathramh turuis a bha e air falbh.

(Ri leantuinn.)

Ruairidh Mac Leoid.

Tha sinn a' toirt an iomraidh a leanas air a Ghaidheal chliùiteach so as an Fhianuis. Tha fhios againn gu'n taitinn i gu math ri moran d' ar leughadairean.

Rugadh Ruairidh Mac Leòid 's a' bhliadhna 1821, ann an Waternish, 's an Eilein Sgiathanach far an robh athair 'na thuathanach beag.

Fhuair e an réiteachadh agoil a bha cumanta am measg cloinne aig an am ud. Chaidh àrach gu cùramach ann an eòlas air na Sgrìobhturan Naomha, a tha comasach air ar n-òigridh a dheanamh glic air son ùine agus air son siorruidheachd. Cha robh Ruairidh Mac Leòid ach naoi bliadhna deug a dh' aois, an uair a dh' fhàg e Eilean a' Cheò, gu cath na beatha a chur air raon an t-saoghail so. Bha e mu naoi bliadhna fichead a dh' aois an uair a shuidhich e a champ ann am baile mòr Dhunéideann. An so 's a' bhliadhna 1859 thoisich e air marsantachd tì. Shoirbhich leis gu mor. Bha e 'na cheannaiche glic, deanadach. Dh' iarr e air tus rioghachd Dhé agus a fireantachd, agus thug Dia dha gach ni eile a bha a dhith air. An 1878 ghabh Mr Mac Leòid aon d' a mhic a steach leis ann am malairt na tì. Dh' fhàs an obair so air an làmhan cho mor gus am bheil a nis deadh eòlas orra air feadh Albainn.

Bha Mr Mac Leòid 'n a dhuine stéidheil, diadhaidh, agus 'n a bhall tapaidh, dileas, de 'n Eaglais Shaoir. Bliadhna as deigh bliadhna, fad timchioll air fichead bliadhna, chomharraich Cleir an Eilein Sgiathanaich e gu 'bhi 'n a bhall de Ard-Sheanadh ar n-Eaglais, gu 'bhi a' seasamh còirichean eilein a dhùthchais. Bha e fad deich bliadhna fichead 'n a fhear-dreuchd co-cheangailte ri Eaglais Shaor Chalum-cille, ann an Duneideann. Cha robh ball de 'n t-Seisein a bu dìlse do 'n choimhthional so na Mr Mac Leòid.

Air Diciadain, <eng>October<gai> 13, 1897, chaidh Mr Mac Leòid gu Dailché, a dh' fhaicinn a bhràthar, am Maidsear Mac Leòid, duine gaisgeil fialaidh, dileas, a tha 'n a dheadh phosta 's an Eaglais Shaoir. Bha Mr Ruairidh Mac Leòid 'n a dheadh shlàinte air an latha so, agus thill e dhachaidh an àm gu bhi a lathair air an fheasgar so féin, aig a choinneamh ùrnuigh sheachduin, an Eaglais Chalum-cille. Air do 'n choinneamh a bhi air a fosgladh leis an Urr. Calum Mac-a-Linnean, dh' iarr e air Mr Mac Leòid dol an ceann ùrnuigh. Chaidh e air ceann an dleasanais so. Rinn e ùrnuigh ro dhùrachdach, agus an sin shuidh e. Thug am ministear a mach earrann as a Bhiobull, gu facal earail a labhairt, ach cha robh ùine aige air aon lide a radh an uair a 'bha Mr Mac Leòid air a ghairm do thigh nan Iomadh Aite-comhnuidh. Shaoileadh air tùs nach robh e ach ann an laigse, agus rinneadh gach ni a b' urrainn caoimhneas a nochdadh da. Ach b' i a chrìoch a bh' ann.

Aig coinneamh Seisean Eaglais Shaor Chalum-cille, an Duneideann, an <eng>October<gai> 28 1897, sgrìobh an Seisean mionaid mu Mhr Mac Leòid, agus as a mhionaid so a chuir an t-Seiseann thugainn, tha sinn a toirt nam briathran a leanas:-

“Ann am bàs Mhr Ruairidh Mhic Leòid, dh' fhalbh as ar measg neach d' an tug sinn gràdh agus urram. Rinn a bhàs bearna 'n ar measg, nach bi furasda a chàradh. Bha e 'na bhall dileas agus saothreachail d' ar Seisean, agus d' ar Cùirt Dheacoin. Lion e dreuchdan na deaconschd agus na seanaireachd 'n ar measg fad deich bliadhna fichead. Re nam bliadhnachan so, fhritheil e gu dichìollach, cogaiseach, cuinneamhan nan cùirtean so. Rinn e na b' urrainn e air son maith a choimhthionail so, agus air son aobhar Chrìosd 'n ar measg.

Bha e 'n a mhac dileas do 'n Eaglais Shaoir, agus gu sònruichte do choimhthional Eaglais Shaor Chalum-cille.

Bha meas againn air mar neach a bha làn graidh. Bha an còmhuidh crìochan iomchuidh aige 's an amharc. Cha d' iarr e a chriochan fein. Bha e ullamh gus gach ni a a dheanamh gu cogaiseach gu onair a chuir air Crìosd. Bho a fhein-fhiosrachadh farsuinn, bha e comasach air maith a dheanamh do shean agus òg. , Bha a dhiadhachd phearsanta air a stéidheachadh air smior an t-soisgeil. B' e Crìosd na h-uile agus anns na h-uile dha. Ann an Spiorad Chrìosd bha e 'na charaid do 'n bhantraich agus do 'n dilleachdan.

Bha gràdh againn dha ré a bheatha, agus tha sinn 'g a ionndrain an deigh a bhàis."

Bha Mr Mac Leòid pòsda da uair, agus dh' fhàg e 'n a dhéigh bantrach, triuir mhac, agus triuir nighean. Tha an triuir nighean pòsda Gu dearbh ionndrainnidh coinneamhan ar n-Ard Sheanaidh an Gaidheal gleusda, deallasach, Mr Ruairidh Mac Leòid.

Aig a choinneamh a bh' aig muinntir a' bhaile Di-luain s'a chaidh, dh' aontaich iad gu h-aon-ghuthach leth-cheud mìle dolair a ghabhail an iasad air son làrach saor agus uisge a thoirt do chuideachd an iarunn ma ni iad an obraichean a shuidheachadh ann an Sidni.

[TD 263]

[Vol. 6. No. 33. p. 7]

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

Bha triuir mhac aig Cailean iongantach, Sir Donnachadh an t-oighre, Sir Iain d' am bu cho-ainm Iain anfhann, bho 'n d' thainig Caimbeulaich Inbhar-Leothair; agus an treas mac Cailean Og. Bha mac aig Cailean Og a bha làn breacadh-sianain. Thugadh Iain Riabhach mar fhar-ainm air. Theirear sliochd Iain Riabhaich ris an teaghlach a thainig a mach uaithe gus an latha 'n diugh.

Bha SIR DONNACHADH na dhuine ainmeil a thaobh a ghliocais agus a thaobh a ghaisge. Is esan a cheud fhear de 'n chinneadh a ghabh an tiodal "Earraghaidheal" da féin. B' e an coigeamh Mac Callum Mor. Sgud e 'n ceann de thorc allda anns an Fhraing le aon bhuile de'n chlàidheamh, agus riamh uaithe sin tha ceann an tuirc aig na Caimbeulaich mar shuaicheantas. (Tha cuid de na seanachaidhean a' cumail a mach gur e 'n torc a mharbh Diarmad air Beinn-an-Tuirc an Cinntire bho a bheil an suaicheantas so aca.) Bha Sir Donnachadh agus an teaghlach rioghail gle chàirdeil ri chéile. Ghlac na Sasunnaich Seumas, oighre 'chrùin, 's e 'na bhalachan òg air a thuras do 'n Fhraing. Chaochail Raibert III, goirid an deigh sud

leis a bhristeadh-cridhe. Bha Seumas naoidh bliadhna deug na phrìosanach ann a Sasuinn, agus brathair-athar, Raibert, Diùc Albani, na Thainistear air Alba, an toiseach, agus an deigh sin a mhac Murachadh, Diùc Albani. Chuir Sir Donnachadh impidh air Murchadh Diuc Albani cur a' dh' iarraidh an rìgh do Shasuinn. Rinn e sin 's bha e air a chrùnadh mar Sheumas I anns a bhliadhna 1424. Cha do dhi-chuimhnich rìgh Seumas riamh do Shir Donnachadh an caoimhneas ud. Thug e stigh e do 'n Chomhairl-Dhiomhair, <eng>(Privy Council)<gai> 's bhuilich e air mar an ceudna na dreuchdan-Ard fhear ceartais agus Fo-uachdaran air Siorrachd Earraghael. 'Nuair thainig Seumas II thun na Cathrach, sheas Earraghael gu dileas a chùl. Bhuilich an rìgh sin an tiodal Tighearna Caimbeul air. Bha e posda da uair; an toiseach ri nighean Raibeart Diùc Albani, bho'n robh dithis mhac aige, Gilleasbuig, an t-oighre, agus an dara mac Cailean Ghlinn-Urchaidh, prìomh-athair teaghlach Bhraid-Albainn, air an toir sinn iomradh an deigh so. Phòs Sir Donnachadh an dara uair nighean Sir Iain Stiubhairt, mac neo-dhligheach a bh' aig Rìgh Raibeart III. Bha mar sin fìor dhlùth-chleamhnas eadar e agus an teaghlach rioghail. Bha triùir mhac aige o'n dara bean, Donnachadh, Niall, agus Alasdair. 'Se sliochd Dhonnachaidh so, a tha 'nan Ridirean air Auchinbreck, còir seasamh aig deas laimh chinn-fheadhna. Is e Alasdair prìomh-athair teaghlach Lochnell. Chaochail Sir Donnachadh 'sa bhliadhna 1453, agus tha e air adhlacadh an eaglais Chillmun; eaglais sgìre a thog e fhéin anns a chearn ud de 'n oighreachd. Bho 'n àm ud 'se Cillmun prìomh ait'-adhlac teaghlach Earraghael.

B'è GILLEASPUIG RUADH an siathamh Mac Cailean Mor. 'Se Gilleaspuig ruadh Chill-brìde a theirte ris oir rugadh an Cillbrìde e, àit' a tha mu dha mhìle 'o Inbher-aoraidh. Tha e coltach gu'n robh e 'na dhuine ciùin, socair, oir cha'n eil moran air a radh ann an eachdraidh mu thimchioll. Bha e posda ri Ealasaid nighean Tighearna Somerville, bho 'n robh aon mhac aige, Cailean an t-oighre.

Bha CAILEAN, Iarla Earraghael, gle òg 'nuair dh' eug 'athair. Thog brathair athar, Cailean Ghlinn-Urchaidh, e le mor chùram. Phos iad (Cailean Ghlinn-Urchaidh agus Cailean Earraghael) an dithis pheathraichean, nigheanan Iain Stiubhairt Tighearna Lathairn. Phos Caimbeulach eile an treas piuthar 's mar sin bha Lathairn air a roinn eatorra. oir b' e a chloinn-nighean so a b' oighreachan air an athair. Chaidh Iain Stiubhart fhein a mhurt an Dunstabhanais le mac a pheathar, ceann-cinnidh nan Dùghallach. Rinn e 'n gnìomh oillteil so an dùil gu'n glacadh e còraichean na h-oighreachd oir cha phòsadh te seach te de na ban-oighreachan e. Ach theich na h-igheanan leis na còraichean, agus an deigh sin phòs iad na Caimbeulaich mar a dh' ainmich sinn. So mar fhuair na Caimbeulaich còir air Lathairn. Fhuair Cailean an tiodal Tighearna Lathurn agus chuir e 'n "long," suaicheantas Lathairn, ri 'shuaicheantas fein. Rinn Seumas II Iarla dheth. B' esan ceud Iarla Earraghael. Ri linn rìgh Seumas III bha iomadh gnothuch cudthromach a bhuinneadh do'n rìgheachd air earbsa ris. Bha e 'na ard-theachdaire rìgh an cùirt Eideard IV an Sasuinn, agus a ris an cùirt na Frainge. Ri linn Sheumais IV bha e anns na dreuchdan a b' àirde fo 'n chrùn gu àm a bhàis. Chaochail e anns a bhliadhna 1493. Dh' fhàg e dithis mhac agus seachdnar nighean. Phos te dhiu Lachlann Og MacGilleain Dhùthaird. B'è ainm nan gillean

Gilleaspuig agus Tomas.

Ri leantuinn.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear Tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.

Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia

Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>

SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>

Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c

SIDNI, C. B.

CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>

Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.

SIDNI, C. B.

D. A. MacFHIONGHAIN,

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, Etc.

Baile-Sheorais, E. P. I.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN

DOTAIR FHIACAL,

OIFIG-Os cionn Stor Harrington,

SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.

SIDNI, . . . C. B.

<eng>Indurated Fibreware<gai>

Tha an seorsa so na 's daoire na na bucaidean cumanta, ach 's math
is fhiach iad sin; tha iad na 's buaine, agus mar sin 'siad a's
saoire.

<eng>THE
E. B. EDDY, Co.,
LIMITED,
HULL, CANADA.<gai>

[TD 264]

[Vol. 6. No. 33. p. 8]

Cabar-feidh.

Deoch-slainnte chabair fèidh so
Gur h-éibhinn 's gur h-aighearach;
Ge fada bho thir fein e,
Mhic Dhé greas g'a fhearann e;
Mo chrochadh a's mo cheusadh,
A's m' éideadh mar mheala mi,
Mur àit leam thu bhi 'g éiridh
Le treun neart gach caraide!
Gur mise chunna' sibh gu gunnach,
Ealamh, ullamh, acuinneach;
Ruith nan Rothach 's math 'ur gnothach,
Thug sibh sothadh maidne dhoibh;
Cha deach' Cataich air an tapadh,
Dh' fhag an neart le eagal iad,
Ri faicinn ceann an fhéidh ort
'Nuair 'dh' éirich do chabar ort!

B'e 'n t-amadan fear Fòluis,
'Nuair thòisich e cogadh riut;
Rothaich agus Rosaich-
Bu ghòrach na bodaich iad;
Frisealaich a's Granndaich,
An càmpa cha stadadh iad;
'S thug Forbeisich na 'n teann-ruith,
Gu seann taigh Chuil-fhodair orr'.
Theich iad uile is cha d' fhuirich
An treas duine 'bh' aca-san;
An t-Iarla Catach ruith e dhachaidh-
Cha do las a dhagachan;
Mac-Aoidh nan creach gun thar e as,
'S ann dh' éigh e 'n t-each a b' aigeannaich.
Ri gabhal an ratreata,
'Nuair dh' eirich do chabar ort!

'S ann an sin bha 'm fuathas
Ga 'n ruagadh thar bhealaichean,
An deas dhuinn a's an tuath dhuinn,
Gu luath ruith roi' d' cheann-eideadh;
Mar sgaoth a dh' eoin nam fuar-bheann,
A's gruaim air a h-uile fear,
A' tearnadh bho na sléibhtean

Gu réidhleoin 's gu cladaichean.
Dh' eigh iad port 's gu 'n d' fhuair iad coit,
'S bu bheag an toirt mar thachair dhoibh;
Ciod e 'n droch rud rinn am brosnach',
Le 'n cuid mhosg nach freagrach srad
'S a liuthad toirtear dheth na Rothaich,
'Dol air flod thar chlaigeannan?—
'S ann ghabh iad an ratreata,
'Nuair 'dh' eirich do chabar ort!

Gu 'm faigh mi fein mo dhùrachd—
('Se dhùisg as mo chadal mi)
An Tì do 'n geill na dùilean,
'S da 'n ùmhlaich na h-uile ni,
Gun greas e thu gu d' dhùthaich,
Gu h-uasal 's gu h-urramach!
Gur tu nach leigeadh cùis,
Leis na dù-Ghaill nach buineadh dhoibh;
'S tu bheireadh clotha do luchd gnothaich,
Gun fhios co a throdadh riut;
An fhine Rothach chuir thu fodha
Ge mor leotha 'n ladornas,
Ga 'n cuir romhad le 'n ruith-choimhich,
'S am baile-nodha na shradagan,
'S na lasair anns na speuran,
'Nuair dh' eirich do chabar ort!

Chunna mi m'a thuath thu
'S gu 'm b' uachdaran allail thu;
Bha Cataich fo do chùram,
A's dh' ùmhlaich na Gallaich dhut;
'S gach tì bha riut an diùmba,
'S nach dùirigeadh sealladh ort,
A' faicinn bhi ga 'n sgiùrsadh,
Gu dùthaich nach buineadh dhoibh.
Le gasraidh fhinealt dheth do chinneadh
Nach gabh giorag eagalach;
Luchd chlogaid 's bhiodag 's chorcan bireach,
Cha philleadh luchd-bagairt iad;
Thig feachd Mhic Shimi ga do mhilleadh,
'S ruithidh iad gu saidealta;
'S gu 'n teach iad o chlàr t-eudainn,
'Nuair dh' eireas do chabar ort!

Tha am brochan a' toirt sàr dhuibh,
'S tha 'n càl a' toirt at oirbh;
Ach 's beag is misde 'n t-àrmunn,
'Ur sàth thoirt an nasgaidh dhuibh:
Ge mòr a thug sibh 'chàise,
Thar àiridhean Asainne,
Cha 'n fhacas cuirm a'm Fòlais,
Ge mòr bha do chearcann ann:
Caisteal biorach, nead na h-iolair',
Coin a's gilleann gortach ann;

Cha 'n fhaicear bioran ann ri teine,
Mur 'bidh dileag bhrochain ann;
Cha 'n fhaicear mairt-fheoil ann am poit ann,
Mur bi cearc 'g a plotaigeadh;
'S ga 'n tional air an déirce,
'Nuair thréigeas gach cosgais iad.

Cha 'n eil eun 's na speuran,
Is breine na 'n iolaire,
Cha 'n ionann idir beus d'i,
'S do dh' fhéidh anns na firichean;-
Bi'dh iadsa moch ag eiridh,
A' feuchainn a' bhiolaire;
'S bi'dh is' air sean each caoile,
Ri slaodadh a mhionaich as;
Chuir i spuir a staigh na churach,
'S thug i fhuil na spadul as,
An t-ian gun sonas 'g iarraidh donais,
Bi'dh na coin a' sabaid rith';
'S breun an t-isean i air iteig,
Gu 'n fhios c'àit an stadadh i,-
Mas' olc a lean i 'h-àbhaist,
Cha b' fhearr far na chaidil i.

Cha 'n eil eun 'san t-saoghal
R'a fhaotainn tha coltach riut,-
Cha 'n ithear do chuid sìthne-
Rinn firinn a' mollachadh:
Ged tha ort iteag dhìreach,
Mar fhior shaighead corrannach,
'S ged thuirte iad riut am fireun,
Tha ionan an Donuis ort!
'S ioma buachaille 'th' air fuar chnoc,
Agus cuaille bàt' aige;
Ni guidhe bhuan do bhuntain bhuath,
'S a bhuaileas bho do thapadh thu;
'Nuair bheir thu ruaig air feadh nan uan,
'S a bhios buaireas acrais ort,
'N uair thachras cabar féidh ort,
Gu'm feum thu bhi snasadh dha!

Tha cabar-fearna Dhòmhruill,
Mar spòrs anns an talamh s' ac';
Nach innseadh sibh dhomhs' e,
'S gu 'm b' eol domh a charachadh;
'S chuirinn fios gu h-eòlach,
Gu Seòras an caraideach,
Gur h-e Fear Dhuin-Dòmhnruill,
Le lòn chum an t-anam ris;
'Bhiasd gun mheas, gun mhiagh, gun ghliocas,
Riamh bu tric 's an talamh s' thu;
Dh' òl a's dh' ith thu trian do d' phiseich,
'S tu an t-isean amaideach;
Chuir na Rothaich thu air ghnothach,

'S tu an t-amhusg aineolach,
'S ged 'thug Clann-Choinnich miadh ort,
Cha b' fhiach thu 'n treas earainn deth.

Faire! faire! shaoghail,
Gur caochlaideach carach thu;
Chunna mise Sì-phort,
Nam pìoban cruaidh, sgalanta,
Nach robh air Alb' a dh' aon-shluagh,
Ged shineadh Mac-Chailein ris,
Na chumadh riut 's an eudann,
'Nuair dh' eireadh do chabar ort!
Dh' eireadh leat an coir 'san ceart,
Le trian do neart gu bagarach,
Na bh' eadar Asainn, a's fa dheas.
Gu ruig Sgalpa chraganach,
Gach fear a glacadh gunna snaip,
Claidheamh glas, no dagachan,-
Bu leat Sir Dòmhnall Shléibhte,
'N uair' dh eireadh do chabar ort!

Dh' eireadh leat fir Mhùideirt,
'Nuair 'ruisgte do bhrataichean,
Le 'n lannan daite dù-ghorm,
Gu 'n ciuirte da marcaich leo;
Mac-Alasdair 's Mac-Ionmhuinn,
Le 'n cuilbheirean acuinneach;
'Nuair rachadh iad 'san iorghuill,
Gu 'm b' ioghna mur trodadh iad:-
Bi'dh til fhathast gabhail aighear,
Ann am Brathuinn bhaidealach,
Bi'dh cinne t-athair ort a' feitheamh,
Co 'bhrathadh bagradh ort?
Bi'dh fion ga chaitheamh feadh do thaighe,
'S uisge-beatha feadanach;
'S gur lionmhor pìob ga 'n gleusadh,
'NUAIR DH' EIREAS DO CHABAR ORT!

Tha e ri chantuinn gur h-e Tormad bàn Macleòid an Asainn a rinn
"Cabar-féidh" air do na Rothaich cuairt a thoirt do dh' Asainne a
dh' iarraidh creiche. Thainig iad ré an t-samhraidh, 'n uair a bha
na boireannaich leis a' spréidh air an àiridh, agus, a réir na
sgeulachdan a th' againne, cha 'n e 'mhàin gun d' thug iad leo mòran
cruidh, ach mar an ceudna, ìm a's càise. Thog an gnìomh so fearg
Mhicleòid agus rinn e "Cabar-feidh" oir 's ann bho Chlann Choinnich
a chaidh a chreach a thoirt.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO., <gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI, - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

[TD 265]

[Vol. 6. No. 34. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE. 18 FEBRUARIDH. 1898. No. 34.

<eng>AFRICA<gai>.

Bha anns na linntean o chian aitean 'us rioghachdan measail, cumhachdach 'us beartach ann an ceann mu thuath <eng>Africa<gai> agus air oir na fairge tha 'dealachadh <eng>Africa<gai> 's an Roinn-Eòrpa bho cheile. Co nach cuala iomradh air Carthago no Carthage 'm baile rioghail, le sgil, 'us le ghaisge, 's leis gach euchd a rinn e fein agus an sluagh a bha m'a thimchioll. Is iad na Pheniciansaich, (no mar is nos do charaid sonruichte 'tha agamsa 'radh, "An Fheinn Aisianach,") a leig air tus bunaitean Charthage Le 'm malairt, 's le 'n treoir, 'us le 'n dalmachd, 'us le 'n tapaidh, rainig na Carthaiginianaich inbhe ard, laidir, fhabharach, am measg nan rioghachdan 'n an latha fein. Chuir iad an cath gle thric leis na Romanaich, agus fhuair iad iomadh buaidh air na daoine meanmach ud. Co nach eil eolach air gaisge Hannibil, ceannard comasach 'us seolta Chartage, 'chaidh do 'n Spainn agus a dh' imich thar na cnoic chorrach, arda, na h-Alps, agus a chaidh sios air an t-slighe so le feachd mearganta, lionmhor do'n Eadailt, far an d' fhuair e iomadh buaidh air feachd na Roimhe, gus fadheoidh an robh e 'na mhaighstir ann an dùthaich iomraiteach nan Romanach. Thainig crìoch mu dheireadh air forteas aghmhor Hannibil, agus an deigh moran gleachd 'us dortadh fala, chaidh grian Charthage sios am measg neoil dhubha, ghruamach. Thuit i-fein 's a morachd uile; agus an diugh cha 'n eil ach laraichean bochda, briste, far an robh baile eireachdail, lurach, Charthage 'togail a chinn gu duineil, proiseil, reachdmhor, ré iomadh latha's bliadhna. Is ann air taobh mu thuath <eng>Africa<gai> tha tir na h-Eiphit, dùthaich co beartach, co

urramach an iomadh doigh, agus co airidh air cliu 's aire ri dùthaich air bith air feadh an t-saoghail. Tha sgoilearan le dichìoll cliuiteach, 'us le spairn anabarrach a' fosgladh suas a nis bailtean 'us ionmhasan, 'us sgrìobhaidhean anns an Eiphit agus ann an sean dùthchannan eile, 'bha foluichte fo gainmheach an fhasaich, 's fo lom-sgrìos nan aoisean. Tha ar n-eolas an sgoil, 'us ealdhain, 'us innleachd nan sean Eiphitich, a' fas gach là ni 's modha. Cha 'n ann gun aobhar sonruichte 'chaidh an t-ainm, Creathall an t-Saoghail, a bhuileachadh air an Eiphit. Tha fiosrachadh againn air an Eiphit mar a bha i ann an laithean Mhaois agus nan Eabhruidheach, an uair a thainig plaighean eagalach air an tìr a thug sgrìos air an Eiphit agus air a daoine. Bha 'n Eiphit anns an àm ud fein, a' sealbhachadh aite moir, cumhachdaich, anns an t-saoghal. Tha sinn a nis a' tuigsinn gu do sgaoil i a h-ainm, 's a feachd, 's a malairt air gach cearna an ear 's an iar. Thog a Pharaohan no a rìghrean, aitreibh mìorbhuileach, <eng>(Pyramids),<gai> air feadh na tìre airson cuimhne 'ghleidheadh orra fein agus ionad adhlacaidh seasmhach fhaotainn annta. Is e obair oillteil a chuir suas na Bior-charraighean a tha fathast a tarruing aire 's ioghnadh gach neach a tha 'dol do 'n Eiphit. An uair a bha rìghrean na h-Eiphit a' faotainn laimh an uachdair air rìghrean eile, b' abhaist doibh na daoine 'chiosnaich iad a thoirt leo ann am braighdeanas. Is iad so na daoine truagha 'thog le obair chruaidh na cnoic chuimhne 'chìtear gus an latha 'n diugh ann an tìr na h-Eiphit. Is e slugh ealanta, inntinneach, sgìleil a bha anns na h-Eiphitich o thus an eachdraidh. Airson boidhchead, 'us maisealachd, 'us snuaidh shnaidte ghrinn, cha 'n eil air an t-saoghal aitreabh a's àille dreach na teampull Charnaic. Tha gach duine 'chi an teampull maiseach sa 'ga mholadh gu h-anabarrach. Tha geur fhios againn a nis, do bhrìgh gu d' rinn sgoilearan tapaidh moran eolais a thrusadh, gu robh anns na h-aoisean a dh' fhalbh ionnsachadh iongantach aig na h-Eiphitich. Is e Dealbh-sgrìobhaidh, no <eng>Hieroglyphics,<gai> an ainm a tha sean doigh sgrìobhaidh nan Eiphiteach a' giùlan. Is ann air mhodh neonach a fhuaradh an iuchair leis an d' fhosgladh an dorus trid an deachaidh an Dealbh-sgrìobhaidh so 'leughadh agus a thuigsinn. An uair a bha Bonapairt agus cabhlach na Frainge anns an Eiphit, far an tug Nealsan buaidh orra aig Aboucir, fhuair na Frangaich clach aig aite ris an abrar Rosetta. Air a chlaich so bha 'tri seorsachan sgrìobhaidh: eadhon Dealbh-sgrìobhaidh nan aoisean, sgrìobhaidh na canain a bha 'n slugh a labhairt gu bitheanta aig an àm so, agus sgrìobhadh ann an Greugais. Tha clach <eng>Rosetta<gai> 'nis ann an Lunnainn far am facadh mi fein i. Is e an t-aon ni a bha na tri seorsachan sgrìobhaidh air a chloich ag aithris no a' ciallachadh. Is ann do 'n t-Sasunnach Young agus do 'n Fhrangach Champollin, a bhuineas, ann an tomhas sonruichte, cliu 'us moladh airson an fheum a rinn iad gun sgios, gun airsneul de chloich Rosetta ann an solus a chuir air sgrìobhaidhean aosmhor na h-Eiphit agus ann an tabhairt stiuraidh do gach sgoilear thall 's a bhos ann an eolas fhaotainn da fein air sgrìobhaidhean nan sean Eiphiteach. Bithidh tuilleadh agam r'a radh anns an ath litir mu dheibhinn na h-Eiphit agus a h-eachdraidh.

CONA.

Ag Iarraidh Soluis.

FHIR-DEASACHAIDH:—Bha mi-fhein an duil gu'n robh Gaidhlig agam agus gu'n leubhainn agus gu'n tuiginn i, ach thainig rannan 'o chionn ghoirid anns a MHAC-TALLA, air "Tuath Dhruim Albainn," a chuir am cheo mi-gu sonruichte na sreathan so:—

'San darna ceithreimh:

"Luchd a bhreacain, 'chleachd na frithean,
Do Dhiarmaid righrean Albainn"

'Sa cheathramh ceithreamh:

"Clann an Leisdear, gum bu dual
Fo chlogad seirc cur casg air fuadh,
Ochdarthir tha 'n iuchair 's uaisle
A dh' fhuasgladh glasan teanntachd;

* * * * *

Fo it, an iochd troimh ghliocas neimh"—

(Tha iad mar reul gun samhlahd.)

Bhithinn fad an comain aon sam bith de leughadairean MHIC-TALLA a bheireadh soilleireachadh dhomh air na rannan so.

FOGHLUMAICH.

Bha Breatunn agus Ruisia o chionn treis a dh' ùine a strith ri chéile feuch co aca gheibheadh an t-sochair àireamh mhuilleanan dolair a thoirt an iasad do Shina. Bha aig an dùthaich bhochd sin ri suim mhor a phàigheadh do Iapan air son cosguis a chogaidh a bh' eatorra o chionn dha no tri bhliadhnaichean air ais; cha robh dòigh aice air an t-airgead fhaotainn ach a ghabhail an iasad, agus ge b'e dùthaich o'n gabhadh i 'n iasad e, bhiodh barrachd cumhachd aig an dùthaich sin ann an Sina 'sa bhiodh aig dùthaich sam bith eile. 'Se sin a dh' aobharaich a chòmh-strith eadar Breatunn us Ruisia. Ach 'si 'n sgeul mu dheireadh a thainig gu bheil Sina an deigh stiall de cuid fearainn a thoirt do Iapan, agus gu bheil Iapan air son sin an deigh fiachan a chogaidh a mhathadh do Shina. Air an dòigh sin cha bhi aig Sina ri airgead a ghabhail an iasad idir.

Gheibhear anns an aireamh so earainn de dh' Eachdraidh an t-soithich-imrich "Polly." Dhearmaid sinn a cur ann an àireamh na seachdain s'a chaidh. Bidh an eachdraidh air a toirt gu crìch anns an ath àireamh.

[TD 266]

[Vol. 6. No. 34. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. VII.

An la-iar-na-mhaireach aig an am ainmichte, thainig na h-aoidhean do 'n taigh aig Sindbad mar a dh' iarr e orra, agus bha 'm portair 'nam measg. Ghabh iad an dinnear air an socair fhein, agus bha iad gu caoimhneil, cairdeil, comhraiteach mar bu ghnath leotha. An uair a bha 'n dinnear seachad, thoisich Sindbad ri innseadh mar a thachair dha air a' cheathramh turus a chaidh e sheoladh.

"Ged a bha iomadh toil-inntinn agus aobhar-aoibhneis agam aig an taigh," ars esan, "gidheadh cha robh mi fada 'fas sgith dhiubh. Dh' eirich miann laidir 'nam inntinn gu falbh a dh' fhaicinn tuilleadh dhe 'n t-saoghal, agus a reic 's a cheannach-an obair anns an do chuir mi uigh. Chuir mi mo ghnathaichcan air doigh cho math 's a b' aithne dhomh, agus an uair a fhuair mi deas gach seorsa bathair a bha mi gus a thoirt leam, dh' fhalbh mi air mo thurus.

Ghabh mi rathad Phersia, agus chaidh mi troimh chaochladh earrannan dhe 'n rioghachd sin. Mu dheireadh an uair a rainig mi baile-puirt araidh, chaidh mi air bord luinge maille ri marsantan eile a bha 'falbh do rioghachdan fad as, mar a bha mi fhein.

Sheol sinn, agus an deigh dhuinn taghal ann an caochladh bhailtean-puirt a bha ri cois a' chladaich, agus ann an iomadh aon dhe na h-eileanan, thug sinn ar n-aghaidh air a' chuan mhor.

Cha deachaidh sinn gle fhad air ar n-aghaidh an uair a thainig stoirm uamhasach oirnn. B' fheudar do 'n sgiobair ordugh a thoirt seachad na siuil a ghrad phasgadh; agus ghnathaich e a h-uile doigh a b' urrainn e a chum ar sabhaladh o'n chunnart mhor anns an robh sinn. Ach a dh' aindeoin na rinn e, cha robh e 'n comas dha 'n long 's na bh' air bord innte a shabhaladh. Bha 'n stoirm cho laidir 's nach d' fhag i seol no slat ri crann. Mu dheireadh bhristear an long air na creagan; bhathar an aireamh bu mho dhe na seoladairean 's dhe na marsantan, agus chaillear am bathar a bh' air bord gu leir. Gu fortanach thachair dhomhsa agus do chuid eile dhe na marsantan greim fhaotainn air cliathan dhe 'n luing. Ghreimich sinn ris gu math, ged a bha na tonnan uaibhreach a' sior bhristeadh thairis oirnn gun stad, gus an d' thug an sruth 's a' ghaoth sinn a dh' ionnsuidh eilean a bha astar math uainn.

An uair a rainig sinn an t-eilean 's a chaidh sinn air tìr, fhuair sinn measan agus uisge gu leor ann. Stad sinn fad na h-oidhche faisge air an aite anns an deachaidh sinn air tìr, agus o'n a bha sinn air ar misneach a chall gu mor, cha do smaoinich sinn cìod bu choir dhuinn a dheanamh an uair a thigeadh a' mhadainn.

Aa uair a thainig a' mhadainn 's a dh' eirich a' ghrian, choisich sinn suas o'n chladach, agus ghabh sinn air ar n-aghaidh troimh 'n eilean. Chunnaic sinn taighean fada uainn, agus ghabh sinn dìreach far an robh iad. Cha bu luaithe a rainig sinn na taighean na bha sinn air ar cuartachadh le aireamh mhor de dhaoine dubha. Rug iad oirnn, agus roinn iad eatorra sinn, agus thug iad leotha dhachaidh sinn do 'n taighean fhein.

Thug iad mise agus coignear de m' chomanaich air falbh a dh' aon aite. Thug iad oirnn suidhe, agus thug iad dhuinn luibh araidh, agus ged nach robh sinn comasach air an cainnt a thuigsinn, dh' aithnich sinn gu 'n robh iad ag iarraidh oirnn na luibhean itheadh. Cha d' thug mo chompanaich an aire nach robh na daoine dubha fhein ag itheadh nan luibhean idir, agus o'n a bha 'n t-acras orra, thoisich iad ri 'n itheadh le ciocras. Ach o'n a ghabh mise amhrus gu'n robh an t-olc fa-near dha na daoine dubha, cha do bhlais mi air na luibhean, agus bu mhath dhomh nach do bhlais; oir ann an uine ghoirid thug mi an aire gu 'n robh mo chompanaich a' call am mothachaidh, agus ged a bha iad a' bruidhinn, nach robh fhios aca ciod a bha iad ag radh.

'Na dheigh sin thug iad dhuinn rus air a dheasachadh le olla na cno-choca. O'n a chaill mo chompanaich am mothachadh, dh' ith iad am biadh so le ciocras. Dh' ith mise beagan dheth mar an ceudna.

Thug na daoine dubha dhuinn na luibhean an toiseach a chum ar mothachadh a thoirt uainn, air dhoigh 's nach biodh fhios againn air a' chrìch mhuladaich a bha iad gus a chur oirnn; agus an sin thug iad dhuinn an rus gus ar deanamh reamhar; oir bha iad gus ar marbhadh 's ar n-itheadh cho luath 's a bhiomaid reamhar gu leor.

An uair a bha mo chompanaich reamhar gu leor dh' ith iad iad. Ach o'n a bha mo thur agamsa, faodaidh sibh a thuigsinn, a dhaoin' uaisle, an aite fas reamhar mar a dh' fhas cach, gur ann a bha mi 'fas na bu chaoile a h-uile latha. O'n a bha eagal mo bheatha orm a h-uile mionaid, cha robh am biadh a' deanamh feum sam bith dhomh. Bha mi sior dhol as a h-uile latha, agus bha feum agam air sin; oir an deigh do na daoine dubha mo chompanaich itheadh, cha do chuir iad dragh sam bith ormsa o nach robh mi reamhar gu leor.

Anns am am bha moran dhe mo thoil fhein agam; oir is gann a bha iad a' gabhail suim sam bith dhìom. Thug so dhomh cothrom latha araidh air a dhol cho fad o na taighean aca 's gu 'n d' fhuair mi teicheadh air falbh gun fhios dhaibh. Ach chunnaic seann duine mi, agus ghabh e amhrus gur ann a' teicheadh a bha mi. Ghlaodh e as mo dheigh cho ard 's a' b' urrainn da; ach an aite stad, is ann a ghreas mi orm cho luath 's a b' urrainn domh, agus ann an uine ghoirid bha mi as a shealladh.

Aig an am cha robh duine mu 'n aite ach an seann duine. Bha cach, mar bu ghnath leotha, air falbh air astar fada o na taighean, agus bha fhios agam nach tilleadh iad dhachaidh gu feasgar anamoch. Air an aobhar sin, baa mi cinnteach nach biodh uine aca, an deigh dhaibh tilleadh dhachaidh, gu falbh air mo thoir. Ghabh mi romham gus an d'

thainig an oidhche. An uair a dh' fhas i cho dorcha 's nach bu leir dhomh co 'n taobh a ghabhainn, stad mi, agus ghabh mi beagan dhe 'n bhiadh a thug mi leam. Ach cho luath 's a shoilleirich an latha, ghabh mi air aghart cho cabhagach 's a b' urrainn domh. Lean mi air coiseachd fad seachdain; agus bha mi 'seachnadh gach aite anns an saoilinn an robh daoine. Cha robh de bhiadh agam fad na h-uine ach na cnothan coco. Air an ochdamh latha thainig mi ann an sealladh na mara, agus chunnaic mi daoine geala, mar a bha mi fhein, agus iad a' cruinneachadh pepeir; oir bha pailteas dheth anns an aite. Thog mo chridhe riutha, agus ghabh mi direach far an robh iad.

Cha bu luaithe thug iad an aire dhomh na thainig iad 'nam choinneamh. Dh' fheoraich iad dhiom anns a' cheart chainnt a bh' agam fhein, co mi, agus co as a thainig mi. Bha aoibhneas anabarrach orm an uair a chuala mi iad a' labhairt rium 'nam chainnt fhein. Dh' innis mi dhaibh mar a chaidh an long a bhristeadh, agus mar a fhuair na daoine dubha greim orm

"Tha na daoine dubha sin," ars' iadsan, "ag itheadh nan daoine, agus cia mar a fhuair thusa as an lamhan?"

Dh' innis mi dhaibh a' cheart naigheachd a dh' innis mi dhuibh fhein, agus an uair a chual' iad i, bha ioghnadh gu leor orra.

Stad mi comhladh riutha gus an do chruinnich iad na bha dhith orra dhe 'n pheper, agus sheol mi comhladh riutha do 'n eilean as an d' thainig iad.

Thug iad an lathair an righ mi. Bha 'n righ 'na dhuine coir, meineil, agus dh' eisd e gu foighidneach rium fhad 's a bha mi 'g innseadh dha a h-uile car mar a thachair dhomh o'n a dh' fhalbh mi o'n taigh. Thug e aodach dhomh, agus dh' ordaich e curam a ghabhail diom.

Bha moran sluaigh anns an eilean, agus bha pailteas dhe gach ni ann. Bha moran malairt 'g a dheanamh anns a' cheanna-bhaile. Bha mi gle thoilichte faotainn dha leithid a dh' aite an deigh a' mi-fhortain a thainig 'nam rathad; agus o'n a bha 'n righ cho fior chaoimhneil rium, bha mi 'g am fhaireachadh fhein cho sona 'sa bha 'n latha cho fad. A dh' aon fhacal, is mi duine cho mor air an robh de mheas aig an righ 'sa bh' anns an rioghachd. Agus air an aobhar sin, bha h-uile duine a b' fhearr na cheile a bh' anns a' chuirte agus anns a' bhaile a' feuchainn ri comain a chur orm. Ann an uine ghoirid bha sluagh an aite ag amharc orm mar aon dhuibh fhein.

Chunnaic mi aon ni a chuir moran ioghnaidh orm, agus b'e sin, nach robh srian no diollaid aig an righ, no aig duine eile, an

[TD 267]

[Vol. 6. No. 34. p. 3]

uair a bhiodh iad a' marcachd. Air latha araidh 's mi ann an

cuideachd an rìgh, ghabh mi de dhanadas bruidhinn ris m'a dheidhinn so. Thuir e rium gu 'n robh mi 'bruidhinn ma nithean air nach cuala duine a bh' anns an rioghachd iomradh riamh.

Gun dail sam bith chaidh mi far an robh fear-ceairde agus dh' innis mi dha mar a dheanamh e stoc diollaid. An uair a bha 'n stoc deiseil aige, chomhdaich mi e le leather agus le bhelbet, agus dh' fhuaigh mi an diollaid le snath oir.

'Na dheigh sin chaidh mi far an robh an gobha, agus dh' innis mi dha mar a dheanadh e mirionach agus stirrapun. An uair a bha gach ni deiseil agus thug mi an diollaid agus an t-srian a dh' ionnsuidh an rìgh, chuir mi an t-each fo lan uidheam dha. An uair a chaidh an rìgh a mharcaidh bha e anabarrach toilichte leis an obair a rinn mi. Thug e dhomh tiodhlacan a bha anabarrach luachmhor. B' fheudar dhomh diollaidean a dheanamh do mhaithean na cuirte, agus do cheannardan an airm mar an ceudna. Phaigh iad so uile mi gle mhath air son mo shaoithreach.

An uair a chunnaic uaislean na duthcha na diollaidean, thainig cuid dhiubh far an robh mi, agus gus an toileachadh, rinn mi diollaidean dhaibh mar an ceudna. Choisinn an obair so cliu agus meas mor dhomh.

(Ri leantuinn.)

Mu 'n Luing-imrich "Polly" 1803.

O'N BHEURLA, LE S. A. MAC ILLE-MHAOIL

(Air a leantuinn.)

Rinn an t-Iarla còrdadh ri fear Caipitean Darby, aig an robh an long d' am bu shuaicheantas am "Polly," a bha roimhe sin na soitheach-cogaidh Sasunnach, agus air toiseach mìos a Chéitean 1803 thog i siùil as an Oban—a taghal ann am Portrigh 'san Eilean Sgiathanach a thoirt air bòrd an t-ìomlan dhe 'n luchd-imrich, agus an sin chuir i a h-aghaidh air a chuan le mu thimchioll sia ceud de luchd-turuis an taobh am mach de chuideachd na luinge fein, dhe gach aois bho 'n leanabh air guailinn a mhàthar gu ruig an seann duine no 'bhean a bhiodh trì fichead bliadhna 'sa deich.

A measg an luchd-imrich air fad, an taobh a mach do 'n chaipitean agus do Aonghas Mac Amhlaidh a bha air a chur leis an Iarla mar lighiche a fhreasdal do na h-eilthirich, cha robh neach eile air bòrd a bha 'nam barail cho urramach ri Alasdair, fear-ionad an Iarla; ghleachd e ann an comhstri an Rìgh bha an Eirinn air a leon anns a' bhlar, agus a nis a faotainn saor-dhuais bho 'n Rìgh; chaidh e da uair thar a chuain air an robh iadsan aig an àm, agus chuir e seachad beagan bhliadhnaichean anns an dùthaich aineolaich gus an robh iadsan a nis air an turas: agus os cionn a h-uile rud, bha iad a creidsinn gu'n robh barail ard aig an Iarla air, d' am b' àbhaist dhoibh féin ùmhlachd co mor a thoirt—a bharrachd air sin bha fios gu'm bu duine e a rinn moran leughaidh agus breathnachaidh air na h-

ard leabhraichean lagha; agus bha na Sgrìobturann 'gan leughadh, mur ann airson buanachd dha fein, b' ann airson puingeann sònruichte 'bhi aige airson cònnspoid agus argumaid. Bha e air a radh gu'n tug e buaidh air minister ann an aon de pharaisdean Ghalloway mu'n ro òrduchadh agus ceistean cruaidh eile dhe 'n t-seòrsa sin, agus cha robh aon de luchd-ceartais Chirchubri toileach dol an ceann puingeann de'n lagh Breatunnach ris an tàileir fhoghlumte so, agus bu bheag an t-ioghnadh gu 'n robh e air sealltuinn air air bòrd a' Pholly, leis na daoine a bha moran dhiu nach deach riamh ni b' fhaide air falbh na na bailtean margaidh a b' fhaisge agus nach do leugh riamh ach am Biobull is Leabhar Aithghearr nan Ceist, os cionn moran. Fad a cheud che-la-deug bha 'n soirbhis gle fhàbharrach, 's rinn an soitheach adhartas gle mhaith, agus a dlùthachadh air Bancaichean Newfoundland. Cha robh an luchd-turuis a fulang moran le tinneas-mara, agus anns a chuid bu mho bha iad ann an deadh mhisneach.

Bha àireamh de eildeirean na h-Eaglais Albannaich air bòrd, agus bhiodh iad a dol an ceann aoraidh maduinn agus feasgar; rachadh salm a sheinn agus caibidil a leughadh agus a mhineachadh le aon de na h-eildeirean no leis an Dotair MacAmhlaidh a bha aon uair na phears-eaglais anns an arm Bhreatunnach agus bhiodh beannachd air iarraidh do na bha air bòrd. Bhiodh Alasdair gle dheònach air pàirt a ghabhail anns an t-seirbheis-ach thugadh an aire air uairean nach robh a sheanachas fuathasach blasda 'nuair a bhiodh e bruidhinn ris an sgoiba-agus chum na h-àmharusan sin e bho phàirt a ghabhail anns an aoradh fholaiseach, ach bhiodh coltas gu math cràbhach air an àm seinn shalm is ùrnuigh, agus chuidich sin a mheas a sheasamh. Bha na Sgrìobturann gle fhileanta air a theangaidh agus leis a chònnspoid a bhiodh aige a mhaduinn 'sa dh' oidhche mu thimchioll an taghaidh is caochladh phuingeann dhe 'n t-seòrsa sin, shaoileadh duine gur ann a bhiodh agartas aige ri bhi ann an co-choman nan naomh.

Air a choigeamh latha deug dhe 'n Cheitein chunnacas cearb fhada iosal air chumadh neòil agus car coltach ri sin ann an dath, a bha 'sineadh amach bho 'n iar-thuath gu iar-dheas; uairean rachadh e cha mhor á sealladh 'nuair a bheachdaicheadh an t-sùil air eadar tuath agus deas. Bha 'n latha gle chiùin. Bha cuid de 'n luchd-turuis air clar-uachdar na luinge a chuala na seoladairean a bruidhinn air Bancaichean Newfoundland agus mar sin mheall iad iad-féin a smaointeachadh gu robh iad gu luath a a ruighinn ceann an turuis. Rinn iad cabhag sios a dh' innse na naigheachd thoilintinnich d' an càirdean. Ach cha robh an sgiobair air a mhealladh-bha priobadh gu leòr gu a leigeadh ris dhà-san nach e talamh no neul a bh' ann ach raon mor de dheigh. Dh' ordaich e an luchd turuis uile gu h-iosal; chaidh na siùil a sgioblachadh 's gach ni a bha gu h-àrd a thoirt a nuas air a chlar-uachdar, agus rinn e gach ni eile a dheanamh gu h-òrdail airson sabhailteachd an t-soithich agus na bha air bord. Mu dha uair dheug bha pisean de dheigh ri am faicinn seachad air an uisge, agus mu thri uairean an ath mhaduinn cha robh ni ri fhaicinn ceithir-thiomchioll ach deigh. Bha cùram 'us eagal gu leòr air a chaithean-na 'n éireadh stoirm bhiodh an soitheach air a bristeadh leis an deigh. Chuir e roimhe gu'n oibricheadh e cho fad 's a b' urrainn e a stigh anns an àite bu chòmhnarda 'bha ri fhaicinn, rud a rinn e gu seòlta. Cha deachaidh Alasdair òrdachadh sios gu iosal

leis a chuid eile dhe 'n luchd-turuis agus bha e toileach gu leòr cuideachadh a dheanamh air clar-uachdar na luinge. Ach a h-uile cunnart gu robh ann cha b' urrainn an seann nàdar cònsachaidh a bha an Alasdair a bhi air a chumail fo chis, agus dh' fhiach e uair no dha ri teagamh a chur ann an gliocas is eolais a chaiptean anns na h-òrdaidhean a bha e toirt do 'n sgioba. Ach 'nuair a chunnaic e am <eng>mate<gai> a toirt làmh air glas-làmh thuig e gu'm b' fhearr a bhi umhail 's a theanga 'chumail agus an comhnadh a b' fhearr a b' urrainn e a dheanamh. 'Nuair a thainig a mhaduinn 's a bhoilsg a ghrian air gach dùn eighanntaich a bha mu 'n cuairt, bha àilleachd an t-seallaidh a dol thar cùntais. Ged a bha na bha de dheigh mu'n cuairt orra an deigh an àile fhionnarachadh agus ionnan 's am fiaclaibh air chrith leis cho grad 's a dh' atharraich an càile-nàduir, gidheadh a chuid de 'n luchd-turuis a dh' fhuirich air clar-uachdar na luinge bha iad air an glacadh le ioghnadh cho mor 's nach b' urrainnear cainnt a chur air. Ach bha a mhaduinn ciùin agus bha na 'h-uile ni gu siochail, sàmhach. 'Nuair a thuiteadh meall dhe 'n deigh bhar nam bineannan a b' àirde, 'nuair a bhiodh e air caitheamh aig a bhonn leis an uisge 's a bhuaileadh e anns an uisge chuireadh e fras de chobhar uaithe ni a bhiodh na chuis uamhais. 'Nan aineolas agus 'nan neo-chleachdadh ris a ghnòthuch a bh' ann cha do chuir e eagal sam bith air an luchd-turuis, agus 'nuair a fhuair iad comas cainnt 's minig a chuir iad an céill an ioghnadh, ann am Beurla 's an Gàidhlig, mu na beanntan dealrach deighe a bha 'g an cuartachadh. Ach bha fìor choltas cùram agus iomaguin ri fhaicinn ann an sealladh a chaiptean; bha e geur-mhothachail air a chunnart anns an robh an soitheach 's na bha air bòrd, do bhrìgh 's gu'n robh sabhaladh gle gle chaol aige na leithid eile de chunnard air turus a bha e air a chuan a tuath. Anns na beanntan loinneirach a bha e 'faicinn m'a choinneamh anns an robh an luchd-turuis simplidh a gabhail urad toileachaidh is ioghnaidh, 'cha robh aige-san reusan gairdeachas sam bith,

(Air a leantuinn air taobh 270.)

[TD 268]

[Vol. 6. No. 34. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi

an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 18 FEBRUARaidh 1898.

As an Acarsaid Shona.

FHIR-DEASACHAIDH:—'S fhada agus cian bho'n a bha dùil agam sgrìobhadh thugaibh ach leis a h-uile trioblaid 's mi-shonas a bha cumail mo chinn troimhe-cheile cha do dhùraig mi riamh toiseachadh gus an diugh.

Tha mi 'sa cheud àite airson mìle taing a thoirt do na Gaidheil bhlath-chridheach, uasal a tha bho sheachdain gu seachdain a cur fios ann an litrichean snasail agus an cainnt fhinealta as gach cearn d'an t-saoghal gu MAC-TALLA, mu dheidhinn treorachadh agus caithe-beatha nan Gaidheal anns gach aite 'sam bheil iad. 'S iomadh uair sin a thug e togail dha m' chridhe 'nuair a bhithinn trom, dubhach, "' s mi gun chairid rium am chòir" a bhith leughadh MHIC-TALLA agus a faicinn cho dileas, duineil, 'sa tha na Gaidheil a seasamh guallainn ri guallainn ann an cumail suas an cainnt mhàtharail agus a cumail air chuimhne cleachdanan 'us mìleantachd an sinnsirean a bh' air am fuadach á dùthaich nan seòd far an robh sinn uaireigin a cumail tilleadh air na lasgairean Lochlunnach no air na Romanaich gheur-bheumach; tha sinn air ar sgapadh feadh farsuinneachd an t-saoghail, anns a h-uile cearn' air 'n do chuir duine geal riamh aghaidh; tha sinn air faondradh bho'n Tuath gus an Deas, bho'n Iar gus an Ear; ach ged a tha so mar so, tha fuil bhlàth a Ghaidheil agus cridhe farsuinn na fialachd a leantail ruinn fhathast. Tha dearbhadh air a so 'nuair a tha MAC-TALLA a glacadh a ceithir àirdean an athair na fàilte a tha na Gaidheil an diugh a' cur air a chéile agus a tilgeadh air an ais gu ceithir rannan ruadh an t-saoghail na fàilt' eireachdail so, anns a chanain a's milse a chaidh riamh an clò:—"Bliadhna mhath ùr dhuibh!"

Bha uair ann agus cha'n fhada uaithe sin 'nuair a bha na Goill mhirunach a cur air mhanadh gu robh a Ghailig gu dol bàs a thiotadh agus nach deante foighneachd fear an rathaid oirre, ach bha iad air am mealladh 's cha duilich leam. 'Sann a tha i 'n diugh na's beòthaile 's na's reachdmhoire na bha i bho chionn iomadh bliadhna. Tha luaidh is meas oirre am measg uaislean a's maitheamh gach dùthaich Chrìosdail. Tha i air a seinn gu fonnar, binn, agus air a deilbh an òrain shunndach, bhlasda, anns na Roinnean Iochdrach dhe 'n dùthaich so, 's an Canada Ard; ann an iomadh àite air feadh nan Staitean Aonaichte, agus le moran sluaigh an Albainn 's an Eirinn. Cha'n eil Oil-thigh an diugh a's fhiach ainmeachadh an Ceann-a-Tuath America no anns an Roinn Eorpa aig nach eil Foghlumaiche Gaidhlig, agus tha a cliù 'sa h-ainm a dol a miad gach bliadhna.

Gu mi-fhortanach dhomh fhein cha'n eil mo chothrom air a Ghaidhlig a chleachdadh ach fad air ais bho thainig a bhliadhna so. Bho thainig mi do 'n dùthaich lom, chreagach, neo-thiorail so beagan roimh 'n Bhliadhn' Uir far nach cluinn mi ach goil a's goilm nan iasgairean Frangach agus sgreadail a's godial an cuid cloinne tha mi'n impis mo chiall a chall. Ach tha mi 'n dochas gu'n gleidh mi mo chiall ma leanas MAC-TALLA agus a chairdean dileas dhomh.

'S mi bhur caraid gach latha 'chith 's nach fhaic.

RIDIRE NAN SPLEAGH.

3 Ceud Mhios an Earraich, 1898.

Chaochail Mr. Alasdair Mac Coinnich, fear-deasachaidh an <eng>Scottish Highlander,<gai> ann am baile Inbhirnis, air an darna latha fichead de 'n mhios a dh' fhalbh. Bha e tinn faisg air tri miosan, ach gu ùine bhig roimh 'bhàs bha e-fhéin agus a chàirdean a smaoineachadh nach robh air ach tinneas air am faigheadh e 'n uachdar. Cha bu duine sean e idir: cha robh e ach leth-cheud bliadhna 'sa naodh a dh' aois. Bu duine e a bha 'na mheadhon air moran feuma anns a Ghàidhealtachd. Rugadh e air croit ann an Gearrloch, agus le 'dhichioll 's le thapadh fhéin dh' obraich e air adhart gus an robh e air fear de na daoine bu mheasaile bha anns a' Ghaidhealtachd. Rinn e obair mhor as leth 'nan croitearan; nuair a bha e 'na dhuin' òg, agus fada 'n deigh sin, bha iad ann an suidheachadh truagh; bha iad cho bochd 's a ghabhadh a bhith, agus gun charaid a togail an càs. Ghabh Alasdair Mac Coinnich os laimh a bhi 'na fhear-tagraidh dhaibh, agus air sàileabh a ghluasaid a thainig ri linn, chaidh leasachadh mor a dheanamh air crannchur nan daoine bochda, agus tha dùil ri moran tuilleadh a bhi air a dheanamh fhathast. Rinn Mac Coinnich ainm mor dha fhein mar fhear-sgriobhaidh. Sgriobh e moran mu chor na Gaidhealtachd agus mu litreachas nan Gaidheal, ach 's ann mar fhear-eachdraidh nam fineachan a choisinn e cliù sònruichte mar ùghdar. Cha'n eil romhainn an còrr a radh uime aig an àm so, oir tha dùil againn gu'n dean "Cona" cunntas a thoirt d'ar leughadairean air beatha an duine ainmeil so, ach feumar a radh gu'n do chaill na Gaidheil ann an Alasdair Mac Coinnich caraid cho dileas, cho blàth-chridheach, 's cho saothrachail as an leth 'sa bh' aca riamh.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan, Rubbers, no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort? Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile, agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a rithist.

Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 269]

[Vol. 6. No. 34. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha an t-side th' ann o chionn seachdain gle bhriagha, agus cha 'n
eil ni aig daoine air an gearain iad ach na droch ròidean. Bha na
faoillich air a gheamhradh so anabarrach séimh seach mar a chunnacas
iad bliadhnaichean roimhe.

Tha bochduin mhor am measg nan iasgairean ann an Ingonish 's an
Acarsaid Neill, agus tha Riaghladh Nobha Scotia a' dol a chur bidh
us nithean feumail eile g' an ionnsuidh. Tha an soitheach-smùide
<eng>Bruce<gai> a dol a ghiulan gach ni g' an ionnsuidh a nasguidh.

Tha sinn a' cur an cùnntais bho àm gu àm g' an ionnsuidh-san a tha
ann am fiachan do 'n phaipear, agus tha dùil againn gu 'n cuir gach
aon a gheibh cùnntas an t-airgead ugainn gun dàil sam bith. Tha
obair a' chlo-bhualaidh anabarrach cosgail, agus feumaidh iadsan
leis an àill a bhi leughadh phaipearan a bhi ullamh gus am
pàigheadh.

Tha iad ag radh gu bheil an t-Ard-Riaghladh a' dol a thoirt air na paipearan-naigheachd <eng>postage<gai> a phaigheadh an deigh so. O chionn àireamh bhliadhnaichean bhatar 'g an giùlan a nasguidh, ach ma tha an sgeul so fìor tha 'n t-sochair sin ri bhi air a thoirt uapa. Tha e doirbh gu leor paipear a chumail air adhart an dràsda, ach ma theid tuilleadh cosguis a chur orra bidh e na 's fìor dhoirbhe.

Fhuaras o chionn ghoirid sgeula-bàis a Chaiptein Uilleam Mac Leòid a mhuinntir <eng>Point Edward,<gai> a chaochail ann an Shanghai, an <eng>China<gai>, air an 8mh latha de Dhesember s'a chaidh. Bha e leantuinn na mara o òige, agus dh' fhalbh e air an turus mu dheireadh mar mhate air soitheach á <eng>St. John, N. B.,<gai> trath 'san earrach s'a chaidh. Beagan lathaichean mu 'n d' rainig iad Shanghai, fhuair e droch leagadh air clàr-uachdar an t-soithich, a dh' aobharaich tinneas dha. Thainig an tinneas sin gu caitheamh dha, agus chaochail e mar a dh' ainmich sinn. Cha robh e ach mu leth-cheud bliadhna 'sa sia a dh' aois.

Tha fathunn a dol mu 'n cuairt an dràsda gu bheil cuideachd ùr Shasunnach an deigh mèinn ghuail a tha ann an <eng>Cow Bay<gai> a cheannach, agus nach teid moran ùine seachad gus an teid a fosgladh air son a h-obrachadh. Tha sinn an dòchas gu bheil so fìor, oir ma tha, bidh <eng>Port Morien<gai> air a chumail ri cheile fhathast, agus aisigear do 'n bhaile sin na timeannan matha agus an soirbheachadh a dh' fhalbh uaithe 'nuair a dhùineadh mèinn Ghowrie. Ma theid a mhèinn so air adhart, agus gu 'm fosglar a mhèinn a tha faisg air Sidni, cha bhi na mèinneadairean cho mor an eiseamail na cuideachd a tha 'gan cumail ann an tigh na daorsa o chionn beagan bhliadhnaichean air ais.

Thatar cheana a' bruidhinn mu thaghadh nan comhairleach anns an t-siorrachd so, ged nach eil an dleasan sin ri dheanamh gu deireadh an fhoghair. Tha sinn duilich a bhi cluinntinn dhaoine a' toirt iomradh air <eng>grits<gai> agus <eng>tories<gai> an co-cheangal ris a' chùis. 'Se ar barail gu 'n gabh siorrachd riaghladh moran na 's fhearr gun iomradh idir a bhi air a thoirt air na h-ainmean sin am measg an luchd-riaghlaidh no am measg an t-sluaigh. Cuireadh an sluagh a stigh daoine cearta, tuigseach, tapaidh, ge b'e taobh air am bi iad, 's leigeadh iad leothasan a bhios ag iarraidh a stigh a chionn gur <eng>grits<gai> no <eng>tories<gai> iad a dhol mu chùl an gnothuich. Buinidh an t-siorrachd do 'n t-sluagh, agus 's ann do 'n t-sluagh bu chòir a bhi 'ga riaghladh, 's cha 'n ann aona chuid do na <eng>grits<gai> no do na <eng>tories.<gai> Tha sinn a' creidsinn gu bheil na tha sinn ag radh fìor, cha 'n ann a mhàin a thaobh na siorrachd so, ach a thaobh shiorrachdan eile cuideachd.

Thainig triuir dhaoine mhuinntir nan Stàitean gu Loch Ainslie o chionn seachdain 's iad a dol a thòiseachadh air tolladh air son olla. Tha choltas air gun teid an obair air adhart, agus ma theid, thig soirbheachadh mor gu Loch Ainslie ri linn.

Tha Tom Nulty, an gill' òg, bhatar a feuchainn ann an Cuibeic air

son mort a bhràthar agus a thriùir pheathraichean, air fhaotainn ciontach, agus tha e ri bhi air a chrochadh air an 20mh latha dhe 'n t-samhradh. Rinneadh am mort ann an September s'a chaidh.

Thachair sgiorradh uamhasach feasgar Di-màirt do 'n "Mhaine," aon de shoithichean-cogaidh nan Stàitean, a bha ann an acarsaid Havana, an Cuba. Spraigh ni-eigin air bòrd, agus a reir sgeòil chaidh an soitheach a chur as a chéile leis, agus bha a mhor-chuid dhe na bh' oirre air am marbhadh no air an leònadh. Cha 'n eil fhios ciod a dh' aobharaich an spraiheadh.

Tha cuideachd an iarunn an dràsda air beulaobh pàrlamaid Nobha Scotia le "bill" ag iarraidh cumhachdan àraidh a bhi air am buileachadh orra mu 'n tòisich iad air an obair. Am measg nithean eile tha iad ag iarraidh cead a bhi reic 'sa ceannach bathair mar mharsantan, ach sin cead a tha sinn an dochas nach fhaigh iad. Cha 'n eil an t-àite anns am bheil iad gu bhi air an suidheachadh air a dheanamh follaiseach fhathast, ach cha 'n eil teagamh nach ann an Sidni.

Mar a thug sinn iomradh uair no dha roimhe, tha cuideachd dhaoine ag obair gu dichionlach ann an eilean beag air cladach an iar-dheas Nobha Scotia 's iad an dùil gu bheil ionmhas mor airgeid am falach ann. Tha iad cheana an deigh ochd sluichd dhomhainn a chladhach, gun bonn-a-sia fhaotainn, agus tha iad a nise tòiseachadh air slochd eile chladhach. Tha moran de dhaoine gòrach anns an dùthaich a tha creidsinn gu bheil beairteas airgeid am falach an sid 's an so, far an robh e air fhàgail leis a mharaiche ainmeil Caiptean Kid; ach 'siad na daoine so a tha 'g obair air Eilean an Daraich 'sa tha 'n deigh moran airgeid a chosg, an fheadhainn a's gòraiche dhe 'n t-seòrsa air an cualas iomradh fhathast. Ma dh' fhag Caiptean Kid airgead anns gach aite 'san robh daoine 'ga shireadh, 'se duine anabarrach beairteach a bh' ann; cha deanadh muilleanan Vanderbilt airgead-pòca dha.

Iadsan a Phaigh.

Raonull Camaran, an Amhuinn a Deas, N. S.
An t-Urr. D. Camaran, <eng>Georgeville, N. S.<gai>

Iain I. Siosal, Pictou, N. S.

Iain N. Mac Leoid, <eng>Orwell,<gai> E. P. I.

\$2.00

Iain D. Mac Ille-mhaoil, Dunbheagain, Ont.

I. I. Mac Rath, Baile-Mhàrtuinn, Ont.

\$2.00

Aonghas Mac Ille-mhaoil, Lagan, Ont.

Mor Nic Philip, <eng>Weymouth, Mass.<gai>

Niall Mac Neill, <eng>Boston, Mass.<gai>

D. C. Domhnullach, <eng>Birch Grove, C. B.<gai>

Donnachadh Mac Coinnich, Gut Mhira.

\$2.00

Lachuinn Domhnullach, Gut Mhira.

Alasdair Dùghlach, Nyanza.

Ailein Camaran, <eng>River Dennis Centre.<gai>
A. S. Dùghlach, <eng>S. W. Margaree.<gai>
Domhnall Mac <eng>Philip, Framboise.<gai>
Aonghas Domhnallach, Boulardarie 'n Ear.
50c
Seumas Mac Isaic, <eng>Port Hood.<gai>
50c
Gilleasbuig Mac Mharais, Essex.
50c
Iain Mac Fhionghain, Allt-a-Bhàillidh, N. S.
Alasdair Mac-an-t-Saoir, Bruce Tuath, Mich.
25c
Lachuinn Mac Gilleain, Bruce Tuath, Mich.
Domhnall Mac Leoid, <eng>Bad Axe, Mich.<gai>
50c
Iain Mac Gill-fhaollain, <eng>Gagetown, Mich.<gai>
25c
Calum Dumhnallach, <eng>Owen Dale, Mich.<gai>
25c
Iain F. Mac Eachuinn, <eng>Greenleaf, Mich.<gai>
25c
Domhnall Caimbeul, (eildear), Baddeck Mhor.
Eachunn G. Mac Aoidh, Bras d'Or Mor,
65c
Iain W. Domhnallach, <eng>Louisburg.<gai>
35c

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.
Brogan matha saor.
Ti mhath mar a b' abhaist.
Beagan de Cheannachd Thioram.
Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.
NIALL DOMHNALLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.

Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

[TD 270]

[Vol. 6. No. 34. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 267.)

agus chuir e an-earbsa gu leor anns a chuan air a mhaduin Chéitein a bha 'n sid. Bha e smaointeachadh 's a deanamh dheth gu'n eireadh a ghaoth mu dha uair dheug agus gu 'n cuireadh i air ghluasad am meall no 'n tòr deighe a bha 'n sid, agus bha eagal air mu'n toradh a bheireadh sin a mach do 'n luing agus do na bha air bòrd.

Ach gu fortanach cha do thiunndaidh a chùis a mach mar a bha esan a deanamh am mach. Lean an aimsir fàbharrach fad caochladh làithean, ach laidh an soitheach gun ghluasad anns na mor-roinnean deighe anns an robh i air a glasadh, agus coltas air gur ann a bhiodh i air a h-ìomain calg dhìreach an aghaidh a chùrsa 'bha dùil aice 'dhol. Chunnaic e gu'n robh coltas gu'm biodh turus-cuain fada agus diachuinneach aca, agus ged a bhiodh iad co fortanach agus gu'm faigheadh iad cuibhteas an deigh bha e faicinn aobhar eagal gu'n ruitheadh an t-uisge agus am biadh goirid. 'S ann a smaointich e gu'n cuireadh e air luidhesachadh maraon an luchd-turuis agus an sgioba, agus cha do dh' fhoigheachd e cead an fhir-ionaid idir anns a ghnothuch, ni a ghabh esan gle ghoirt. 'Se an t-Iarla chuir an lòn turuis air bòrd na luinge agus an àm a bhi ris an obair sin 'se Alasdair a bha sealltuinn thairis air, agus bha e 'smaointeachadh gu'm bu chòir dha an cumhachd ceudna a bhi aige ann a bhi 'ga roinn 's a bhiodh aig a chaiptean; ach 'se mar a bha 'chùis cha robh co-fhaireachduin rùnach sam bith eadar Alasdair agus an caiptean bho 'n oidhche a thainig an deigh a nuas orra. Cha do labhair an caiptean

facal ris. Bha an luchd-turuis air an sàrachadh leis cho fadal ach 's a bha cùisean coltach ri bhi, agus thòisich iad ri monabhur 's ri gearain. Chunnaic Alasdair gu'n robh a choltas air gu'm faigheadh e e-fhein ann an dragh 's an trioblaid. Cha robh so a cur moran ioghnaidh air, oir bhiodh e 'leughadh anns a Bhiobul mar a bha na h-Israelich air an iomain 'san fhàsach agus bha fhios aige cho minig 's a bhiodh iad ag gearan an aghaidh Mhaois, an ceannard. Bha na Gaidheil chòir a bha fad na h-ùine a gabhail an fhir-ionaid mar cheannard a nis a fàs rud-eigin neo-fhoighidneach, oir bha iad a fàs gle mhi-chomhartail leis nach robh na diotan a bha air an tomhas a mach dhoibh leis an stiubhard ach gle bheag, agus bha fios aig Alasdair gle mhath gu'n tionndaidheadh iad air fhéin agus gu'n coiricheadh iad e gu follaiseach gur e bu chùis aobhair d' an mhi-fhortan. Bha e mar an ceudna ann an gruaim ris a chaiptean, a deanamh gle bheag g'a chuideachadh, agus cha robh e idir 'na chùis fharmaid; ach air do inntinn bheòthail a bhi aige, cha robh e fada a faotuinn rathad air e-fhéin fhuasgladh as an argumaid-ribidh anns an do chuir an deigh e. Bha fios aige nach robh de chumhachd aige na bhuaileadh aon de na meallan deighe a bh' anns an nàbuidheachd 's a bheireadh air uisge sruthadh amach as, agus bha e a cheart cho cinnteach nach deanadh oidhirp sam bith a bheireadh esan manna no ni dhe 'n t-seòrsa sin á <eng>America<gai> air an t-soirbheas chiùin a bha a réir coltais gus an tilleadh air an ais gu cùrsa na h-Eirinn. Ach ged nach oibricheadh e miorbhuilean, leugh e Lagh nan Eillthireach a rinneadh ann am Pàrlamaid Shasuinn, agus orra sin shuidhich e 'inntinn air gu'n tiunndaidheadh e an gamhlas a ghabh an luchd-turuis dha féin, air a chaiptean. Bha seòmar beag aige dha fhéin anns an luing, a dh' òrdaich an t-Iarla dha an uair a bha an soitheach 'san Oban, agus anns an t-seòmar bheag so dhùin e e-fhéin fad da latha a meòrachadh air Laghannan nan Eillthireach, agus na Ceannairc-mhara. Bha e deanamh am mach gu robh an sgiobair a deanamh ni mi-laghail ann a bhi 'gearradh diotan an luchd-turuis goirid.

(Ri leantuinn.)

B' FHEARR LEIS NACH D' THAINIG E.

Ann a h-aon do na linntean a dh' fhalbh 'nuair nach robh leabhraichean na paipeirean-naigheachd air an craobh-sgaoladh air feadh an t-saoghail mar a tha iad an diugh, ach a bha daoine ann an tomhas mor a' freasdal na gheibheadh iad de dh' fhiosrachadh troimh bhial-aithris; bha tuathanach a' fuireach ann an dùthaich chéin. Bha 'n t-aite anns an d' rugadh e ciadan mile 'stigh air an dùthaich. Co-dhiu 'bha no rach robh sgoil aige, ('s cha 'n eil e ro choltach gu robh), bha e tur an-fhiosrach ann an ni sam bith ma dheighinn na mara ni b' fhaide na gu 'n cual' e gu robh moran do'n t-saoghal fo uisge, agus gu robh soithichean ac' airson a dhol o aite gu aite air an uisge so. Bha aig an tuathanach so air lath' araidh ri dhol air turas; bha 'n t-astar a bh' aige ri dhol cha fada 's gu 'm biodh e oidhch' air falbh o'n tigh. Fhuair e deas airson an turuis agus dh' fhalbh e air mharcachd. Air dha 'bhi 'n deigh àireamh mhiltean a chuir seachad, chunnaic e duine 'tighinn 'na choinneamh air an robh trusgan nach fhac' e riamh roimhe a leithid. Cha thric a chitheadh e

coigreach idir air an rathad ud, ach ar leis nach fhac' e a h-aon riamh anns an eideadh anns an robh 'm fear so. Dh' fhailtich iad a cheile, us dh' fhoighneachd an tuathanach dhe 'n choigreach cia as a thug e 'choiseachd? Agus thuirt e gu 'n d' thainig e á leithid so de bhaile-puirt. "Thuig mi gu 'n d' thainig thu fad air astar," ars' an tuathanach, "oir cha 'n fhaca mi a cheart sheorsa aodaich a th' ort riamh air duine." "Creididh mi sin," ars' an coigreach, "oir 's docha nach robh seoladair riamh roimhe am mach cho fada so anns an dùthaich so." "Ma ta, cha robh," ars' an tuathanach, "agus na robh fios agamsa gu robh fear dhiu 'tighinn an diugh, cha d' fhag mi an tigh, oir bha mi o'n 's cuimhneach leam a cluinntinn m' an mhuir 's ma shoithichean-moran nach robh mi 'creidsinn-agus gu dearbh na bithinn aig an tigh an nochd gheibhinn fiosrachadh bh' uats' a bha mi o chionn fad' airson fhaighinn." Neo-ar-thaing mar a robh a seoladair duilich nach robh an tuathanach aig a thigh, a chionn, cha 'n e 'mhain gu robh e aineolach 's an dùthaich ach gu robh e fìor sgith agus gle fheumach air biadh 's air tamh. Dh' fhoighneachd e do 'n duine cuin a' thilleadh e, agus thuirt an tuathanach nach tilleadh e gus an ath latha; "'S e sin," ars' esan, "cha robh duil agam tilleadh ni bu luaithe na 'maireach, ach o'n a thachair thus' orm 's e bhios ann gu leig mi seachad a dhol air an turas air a robh mi 'doil-air nach tillinn a nochd-oir ni e 'chuis cho math uair eile. Tha gnothach agam do dh' aite 'tha beagan mhiltean romham, ruigidh mi sin agus tillidh mi agus bidh thusa comhla rium a nochd. Cum air d' adhart agus chi thu 'n tigh agams' na leithid so do dh' aite, (a seoladh dha mar a dh' aimiseadh e air an tigh). Abair ris a bhean agam gu 'n do dh' iarr mis' ort taghal agus i 'thoirt do dhinnear dhuit; agus cuimhnich nach falbh thu." Cha ruigear a leas innse gu robh an seòladair truagh barrachd 'sa bhi taingeil airson caoimhneas an duine ris. Dh' fhalbh gach fear a rathad fein. O'n a bha fios gu math aig an tuathanach c'aite robh aige ri dhol, cha ruig sinn a leas a bhi 'gu leantuinn ni 's fhaide, gus an aimis sinn ris a rithist. Chum an seoladair air adhart le ceum ni b' aotraime na bh' aige roimhe, oir bha e cho toilichte gu robh fhios aige c'aite 'n cuireadh e seachad an oidhche. Rainig e tigh an duine choir; chaidh e stigh-air freagart bean-an-taighe dha 'bhuile aig an dorus. Fhuair e 'stigh: bean-an-taighe, searbhanta-a bha na h-eideadh gu dol air turas airson a bana-mhaighstir-agus coltas duine uasal, ris an robh bean-an-taighe fuasach briodalach. Dh' innis an seoladair do 'n mhnaoi mar a dh' iarr a companach air. Thug i dha biadh, agus 'nuair a ghabh e e, thuirt i ris gu faodadh e nis falbh. "Thuirt 'ur companach coir rium, a bhean ghasda," ars' an seòladair, "mi chur seachad na h-oidhche na 'r tigh, agus ma 's e 'ur toil e cha'n fhalbh mi 'nochd oir tha mi sgith 's cha'n eil a dhith orm ach fasgadh an taighe. Cha do dh' innis braidein riamh gu 'n robh fear-an-taighe a tilleadh-oir thuig e gur ann a gabhail cothrom air a neo-làthaireachd a bha 'bhean 'san duin'-usal, dha 'n robh i gu trang a deasachadh bidh. Bha 'n seòladair 'na thosd, ach a' faicinn gach ni a bha tachairt. Shuidh i fein 's an duin'-usal aig a bhòrd air an robh biadh fada ni b' fhèarr na fhuair an coigreach-ach cha do chuir sin ioghnadh air. Am measg gach rud a bh' air a bhòrd bha botull de bhranndi air. Bha iad a gabhail 's a còmhradh gu toilichte. 'Nuair a dh' éirich a' bhean o'n bhòrd de 'n tubaist ach a chunnaic i fear-an-taighe gus a bhi aig an tigh. A mhic a chridhe!

chaidh an ceòl air feadh na fìdhle—leum an duin' a bh' aig a bhòrd
's

[TD 271]

[Vol. 6. No. 34. p. 7]

chaidh gach ni 'fhalach. Am measg gach rud a bha ri fhalach chaidh an duin'-usal a chur na sheasamh ann an còrn-chlàr <eng>(cup-board)<gai> agus an dorus a dhùnadh air—agus an uair a thainig fear-an-taighe cha do chuir e umhail air dad. Chuir e fàilte as ùr air an t-seoladair agus dh' fhoighneachd e an d' fhuair e biadh us deoch, us thuirt an seoladair gu dearbh gu'n d' fhuair.

"De," ars' a bhean, "a thug dhuit tilleadh cho luath? nach do shaoil mi nach robh thu gu tilleadh gu feasgar am màireach." "Shaoil mi fhein sin mar an ceudna," ars' an duine, "ach 'nuair a thachair an duine so orm, bha mi airson gu'm bithinn oidhche 'na chuideachd agus gu'm faighinn fiosrachadh uaithe mu'n mhuir." Bha a bhean neo-arthaing faoighidneach ri 'companach, agus mar an ceudna ris an t-seoladair—oir bha i gu mor na eisimeil.

Chaidh biadh a thoirt do fhear an-taighe, ach thug an seòladair fànear nach robh e idir cho math ris an fhéisd a bh' aig a bhean 's aig an duin'-usal Cha do ghabh an seòladair sion air mu ni de na chuala na 'chuanaic e. 'Nuair a ghabh fear-an-taighe a bhiadh 's a fhuair e e-fein air doigh shuidh e ri taobh an t-seòladair agus thòisich e ri foighneachd gach ni a b' aithne dha fhoighneachd ('s cha robh sin mor) mu dheighinn na mara 's nan soithichean. Bha an seoladair ag innse dha, cho soilleir 's a rachadh aig air, gach ceist a chuireadh e. "Nach eil," arsa fear-an-taighe, "an cuan cho mor 's gu 'm bi sibh uairean nach faic sibh tir air taobh seach taobh." "'S tu a dh' fhaodadh a ràdh," ars' an seòladair, "'S minig a bha sinn miosan gun ni ri fhaicinn ach an t-uisge 's an t-athar, agus gle thrì a bhiodh an ceo co tiugh 's nach faiceamaid fad an t-soithich bhuainn." "Agus ciamar, an ainm a fhreasdail, a bha sibh a faighinn as, mur robh fhios agaibh c'àite 'm buaileadh sibh tir?" "Bha fhios againn a cheart cho math air ar cùrsa 's air an àite 'n robh sinn 's a bh' agadsa 'n diugh 'n uair a bha thu air a rathad ud shios." "Beannaich mi! cha ghabh sin creidsinn. Nach robh sibh ni bu mhiosa na ged rachadh mise no thusa fhàgail ann am meadhon fàsaich gun tigh no duine mar mhilltean dhuinn. Na'm biodh sin sin mar-sin a bheil thu 'm beachd gu 'n rachadh agad air innse c'ait an robh thu?" "Air t-athais," ars' an seòladair, "fiachaidh mi ri sin a dheanamh soilleir dhuit, ged a tha e 'na ni a tha gle dhoirbh a mhineachadh o nach eil an uidheam agam. Tha uidheam ris an can sinn combaiste againn airson an cùrs' a chumail." "Gu de 'n nadar rud a tha 'a sin?" arsa fear-an-taighe, "cha chuala mi smid idir, riamh, mu thimchioll a leithid de rud. 'No gu de am fios a bhiodh aige-san c'àite am biodh sibh a dol?" "Faigh thusa dhòmhsa 'm pios béilleig ud thall us bheir mi oidhirp air a dhealbh a tharruinn dhuit." Thoisich an seòladair an sin us rinn e dealbh a chombaist, agus dh' fhiach e ri shoilleireachadh do 'n fhear eile mar a bha e 'g

obrachadh ach cha robh e dol sìos aig an fhear eile gu'n gabhadh a leithid a bhith. Mu dheireadh thuirt an seoladair:—"Cluinn so a dhuine, ged nach eil an so ach an dealbh aig an uidheam, gidheadh gheibhinn rudan leis." "Seadh," arsa fear-an-taighe, "a bheil thu smaointeachadh gu leig mi leat a bhi 'fiachainn ri amadan a dheanamh dhìom 'na m' thigh fein; cha dean mi idir e-agus tog dhe d' obair." "Eisd rium," ars' an seoladair, us e, nam b' fhior, a suidheachudh a chombaist, "gu 'm faic thu nach e sin a tha 'm bheachd: falbh agus fiach anns a bhocs' ud thall agus mur faigh thu aran ann, us ni no dha eile na's fhearr na fhuair thu air do bhiadh bheir mi suas a chùis." Chaidh an duine gu h-agail agus dh' fhiach e 'm bocsa, agus faighir e 'n gnothuch dìreach mar a thuirt an seoladair. Thug e 'n so lan chreideas do gach ni a thuirt an seoladair. "Falbh," ars' esan, "a nis agus fiach a chiste mhor ud an sud agus 'se mo bheachd gu 'm faigh thu botull branndi innte." Le lan earbsa chaidh fear-an-taighe agus dh' fhiach, us fhuair e am botull. Bha so ro mhath buileach, agus, gun dàil, chaidh dràm a thoirt do 'n t-seoladair, agus a thairgse do bhean-an-taighe, ach dhiult i e ag ràdh nach b'e aon rud ceart a chuir ann e gun fhios gu robh e ann-ach cha do chuir sin tilleadh air na fearaibh, ghabh iad gu toileach air slàinte 'cheile. Bha fear-an-taighe a nis fo lan ioghnadh mu chumhachd a chombaiste 's bha e 'ga shior choimhead. Ach rug an seoladair air a so gu grad agus a cur greann air thuirt e:—"Tha 'n donus a stigh agad." "Gu de tha thu 'g radh?" ars am fear eile us e fàs crosda, "na biodh a chridh' agad a radh gu bheil an donas ann am thigh-sa-cha'n eil gnothuch aig' ann." "Air m' fhacal tha; agus faigh thusa bata an t-aon dhuinn-ma tha e idir a stigh tha e anns a chorn-chlar ud an sud." Fhuair am fear eile da bhata. "Nach toir thu maide do'n mhnaoidh," ars' an seoladair, "tha mi 'n dòchas nach bi 'n còrr gnothuich aice ris no aige rithe agus bu chòir dhi ar cuideachadh gus a thoirt air nach tig e a rithist air an t-saothair." "Mur cuir sinn fein air theicheadh e," arsa fear-an-taighe, "mo làmhsa nach cuir ise." Ghlachd gach fear dhiubh a bhata. "Falbh thu a nis," ars' an seoladair, "agus fosgail an dorus a mach agus fosglaidh mise dorus a chlair, agus ma tha e ann cha chumhain sinn e-ach thoir an aire nach bi thu eadar e 's an dorus." Dh' fhosgail iad na dorsan-a mach leum a fear a bha anns a chòrn-chlàr, aige bha na fearaibh, sid sad ac' air fhad 'sa bha e eadar an da dhorus; ach faodaidh sinn a chreid-chreidsinn nach robh sin fada. "Nach robh mi ceart a nis" ars' an seoladair,—"nach robh e ann mar a thuirt mi? agus b' fhearr leis nach d' thainig e idir." "Ma ta 's tusa bha sin ceart agus fìor. Bha e ann gun teagamh-ach fhearaibh 'sa dhaoine! nach e 'tha coltach ris a mhaighstir-sgoil' againn."

Ghabh an so an tigh gu tamh agus shuidh na fearaibh sìos gu seanachas, agus an tràs s a rithist rachadh lamh a thoirt air a' bhotull 's air an aran 's an càise 'fhuair an combaiste. Chuir iad seachad oidhche thoilichte. Tha e air aithris nach tainig am maighstir-sgoile riamh tuilleadh as deigh na h-oidhche ud, agus nach motha 'thug bean an tuathanaich cuireadh dha no do aon eile, oir bha i cinnteach gur e 'n donus a bh' anns an fhear a thainig 'an riochd seoladair. Agus air an laimh eile, bha fear-an-taighe ann an lan chinnt gu'm b' ann o ni math a thainig an duine ann an riochd seoladair, gus an donus a chur as an tigh. Agus bha e toirt geill

gu'n robh gach ni ag eiridh leis as deigh na h-oidhche 'chuir iad an donns as an tigh.

V.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

Dr. G T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

THA EARBASA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 272]

[Vol. 6. No. 34. p. 8]

Laoidh.

Nis tha 'n geamhradh air gach taobh,
'S nàdur teann fo 'n reothadh chruaidh;
'S fuaraidh, lóm, gach lus is craobh,
'S gach sìon aognuidh mar an uaigh.

Cha 'n eil e ach mar an dé

Bho 'n a rìoghaich samhradh uain',
Bho 'n a chruinnicheadh am fèur,
'S o'n a chrìochnaicheadh a' bhuain.

Làithean grianach dh' imich uainn;
So mar theid ar bliadhnaidh as,
Aon air sàiltean aoin, gu buan,
'S iad na 's luaith' na chéile bras.

Tha ar beatha breòite, gearr;
'S faisg an geamhradh is an t-éug;
'S mar an duilleag, seargt' air làr,
Tuitidh sinne bharr nan gèug.

Ach ni 'n talamh dùsgudh suas:
Tillidh rithist dreach nam flùr,
'S éiridh nàdur as an uaigh,
Beò le beatha ghlòrmhoir, ùir.

Dhuinne fòs, an deigh ar fois,
Thig àm-dùsgaidh aoibhneach, mor,
'S gheabh ar feòil an dòchas clos
Gu ruig earrach buan na Glòir'.

Comhairle do na Gillean Oga.

LE A. MAC CUARRAIG.

Horo Iain taobh rium fhin,
A's na bi 'strith ri amaideachd,
Feumaidh mnathan uaisle ti,
'S gur goirt an cinn mar faigh iad e.

Tionndaidh rium a's leugh a' choir,
Tha mise deonach teannadh riut,
Mu 's olc no math 'g am bi mo dhoigh
Cha chluinn na h-eolaich gearain uam.
Horo Iain, &c.

Cha 'n iarr mi siucar no ti
Srol no siod' a cheannach dhomh,
'Si obair mo dha laimhe fhin
Is cinntiche mi leanailt rium.

Gabh thusa Iain a muir lan,
Mar phataran 's cha 'n aireach dhuit,
Ge b'e cho fhad 'sa theid i 'n aird,
Gu 'm faic thu 'n traigh an ealachd ann.

Sin mar bhitheas luchd na straichd,
Le 'n curaichdean ard 's le 'n cailleaguth,
Ni 'm pòsadh bochd an toirt gu lar,
Mar shneachda ban na gaillinne.

An riomhadh 'cheannaicheas iad gu daor
An saoghal bheir e 'n car asda,
Bidh gun a's gun ga 'n cur fa sgaoil,
Gu aodach do na cailleagan.

'N uair theid iad a mach gu feill,
Gur gann dhuit te dhiubh aithneachadh,
Gu 'n searg iad mar ni ros no geig,
Ri teas na grein a dh' fhannaicheas.

"An uaisle bhoichd gun chas gun lamh,"
Tha 'n dan mar dh' fhag an sean-fhacal,
"Cha chuir e salann air a' chal,"
Bi t-fhaiceall tra' mu 'n lean i riut.

An uaisle, 'bhoichdainn, a's an spors,
Nan triuir a choir na h-amaideachd,
Ma gheibh an ceathrar ud ort coir
Gur maireg bean og a leanas riut.

'Nuair thig am bothan le 'chraos cam,
Am mal, 's a' chlann, 's a' cheannachd ort,
Bu taitneach dhuit a bhean 'san am sin
'Thairneadh ceann an amuill dhuit.

Bu mhath do bhean a bhi gun spors,
Gun mhort, na prois, na h-eallaich oirr';
Ma bhitheas an t-airgiod pailt na poc'
Tha h-uile gloir a leanailt ris,

An deise mharcachd gun an t-each,
Co ard nam beachd 's co amaideach,
Cha 'n iognadh cogadh agus plaigh
Bhi anns gach ait' 'n tachair iad.

Na ruffles gun sgillinn 's a phochd',
Na brogan 's linnigh anuirt annt;
'Toirt iasad á sgiath gach coin,
'Se 'n doigh am faod thu 'n aithneachadh.

Tha 'n dreolan donn ann as na h-eoin,
An iolair' mhor 's an eala ann-
Tha 'n sgiathan fein a reir gach seors'
A leum 's an doigh am maith dhoibh e.

Tha thus' a's mise 'reir a cheil'-
Ar n-or, ar spreidh, 's ar seanairean;
'S mu gheibh mi each a ruith na reis
Cho luath riut fein, nach lean mi ris.

Do 'n uaisle cha tugainn beum
Na h-aite fein, 's cha teannainn ris-
Cha chliu 's cha ghliocas dh' fhear gun spreidh

Bhi foirneadh te a dh' aindeoin diubh.

Oran Gaoil.

Cha ghabh mi 'n te shrideagach, shradagach, ruadh,
A chumas an conas 's am mollachd a suas,
Cha bhitheadh i agam airson a cur bhuam
'S e turas gu 'n bhuaidh thug dhomhs' i.

Ma phòsas mi cha ghabh mi té mhòr,
Cha phòs, cha taobh, 's cha ghabh mi te mhòr,
Ma phòsas mi idir cha ghabh mi té mhòr,
'S ro bheag an té dh' fhoghnas dhomhsa.

Cha ghabh mi te mhòr 's cha ghabh mi té àrd,
B' fhearr leam te bheag a bhiodh faisg air an làr,
Cha ruiginn a leas a dhol fad air a sgàth,
Chur uisge na sàil nam bhrògan.

Mo cheisd air an ainnir is meallaiche sùil,
Do shlios mar an eala, gur math thig dhuit gùn,
Gruaidh dhearg is rosg thana 's glan sealladh do shul,
Gu 'm mealladh tu diùc le d' bhòidhchead.

Do ghruaidh mar na ròsan cho boidheach 's cho mìn,
Do chuailein cho clannach 'ga chàradh le cìr,
Cha 'n fhàg mi thu idir air son bhi gun nì,
Gu 'm faigh sinu a chaoidh na dh' fhoghnas.

Dh' fhalbh mi le cabhaig gu banais do 'n chùirt
Ri oidhche gun ghealach, bu mhath dhomh mo thùr-
Cha bhithinn ri gearan ged chosdain na crùin,
Na 'n tachradh mo rùn 'sa chòdhail.

Bha càch anns an t-sabhull ri ceangal nam bann,
Bha mis' aig an teine gun duin' ach a chlann,
'Nam paigheadh a' bhuideil cha robh mi air chall,
Ged dh' òl iad an "dram" gu 'n m' fheòirich.

Ma phòsas mi cha ghabh mi té mhòr,
Cha phòs, cha taobh, 's cha ghabh mi té mhòr,
Ma phòsas mi idir cha ghabh mi té mhòr,
'S ro bheag an té dh' fhoghnas dhomhsa.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,

Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
TAILLEAR.
SIDNI - - - C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear agraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean Nova Scotia
Quebec agus Newfoundland.
SIDNI, - - - - C B.

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?
Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 273]

[Vol. 6. No. 35. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 25 FEBRUARIDH, 1898. No. 35.

COMUNNAN GAIDHLIG.

Gun teagamh tha cor na Gàidhlig aig an àm so 'na chuis tàireil, maraon do na Comunnan Gàidhlig agus do na Gaidheil anns gach cearn. Tha mòran Chomunnan Gàidhlig air an sgaoileadh air feadh an t-saoghail, agus ma tha, ciod am feum a rinn iad riamh airson na Gàidhlig? Gu dearbh, is i an fhirinn gu 'n do rinn iad mòran lochd di. Is ainmig a chluinneas neach fuaim ceòlmhor na Gàidhlig aig an coinneamhan, agus ma chuireas iad iomradh a mach, mu an gnothachan, is i a' Bheurla anns am bi e air a chlo-bhualadh. Cha 'n e sin an doigh airson a' Ghaidhlig a chumail suas. Is e dleasnas gach ball de Chomunn Gàidhlig gach ni a tha 'na chomas a dheanamh gu eòlas air a' Ghaidhlig a sgaoileadh am fad agus am fagus, ach tha e coltach gu 'm beil a chuid a's mò diubh cho deidheil air deanamh sodain ris na h-uaislean agus gur i a' Ghaidhlig bhochd an rud deireannach air an toir iad smaoin. Cha 'n eil ann ach ni gun chiall a bhi ag radh Comunnan Gàidhlig riutha mur eil a' Ghaidhlig air a labhairt annta, agus an gnothach air a dheanamh anns a' chànain cheudna. 'Nuair a bhitheas oraidean air an liubhairt aig coinneamhan nan Comunnan so, is trice a chluinnear a leithid so, "Cha 'n fhaodar dearmad a dheanamh air a' Bheurla." Carson nach fhaodar? Ged a gheibheadh a' Bheurla bas, an e sin gnothach Comuinn Ghaidhlig? Cha 'n e! Cha 'n e an gnothach-san a bhi cumail suas na Beurla!" Bheir na Sasunnaich an aire air sin. Is e an dleasnas-san, cànan an sinnsear a chur air aghart gu fearail, gun a bhi smaoineachadh air ciod a thachaireas do chainnt sam bith eile. Ciod a theireadh feadhainn mu dheidhinn seanailear a theireadh ri 'shaighdearan, "Thoiribh an aire agus na deanaibh cron sam bith do 'n namhaid!" Theireadh iad gu 'n robh e 'na amadan, no gu 'n robh e 'na fhear-brathaidh. Tha moran de thighearnan an fhearainn anns na Comunnan Gàidhlig, mar chinn-suidhe agus mar fhir-comhairle, agus is àbhaist daibh a bhi ag radh, gur toigh leo a' Ghaidhlig, ach cha do chuala neach gu 'n do rinn aon diubh rud sam bith feumail air a son. Bruidhinuidh iad ribh anns a' Bheurla mu dheidhinn nan nithe mòra a ni iad air a son latha-eiginn, ach is àbhaist daibh a bhi crìochnaicheadh dìreach far an do thoisich iad. A nis, tha fios aig na h-uile gu 'm beil cumhachd gu leòir aca air an oighreachdan fein, agus nam b'e an toil a' Ghaidhlig a bhi air a teagasg anns na sgoilibh, cha 'n eil teagamh ann nach bitheadh sin air a dheanamh gu grad, agus uime sin cha ruigear a leas suil faidh gu bhi faicinn nach eil iad da rìreadh. An iad daoine mar so, anns am faod sin earbsa gu bhi a' cumail suas na Gàidhlig? Tha sinn an amharus nach iad, no duine sam bith de an aidmheil de am beil iad, oir cha 'n urrainn moran gràidh no speis a bhi aca do 'n Ghaidhlig, 'nuair is iad-san na ceart dhaoine a tha gu sior a' tilgeadh a mach as an dùthaich a' mhuinntir a tha 'ga labhairt. Tha e cinnteach nach cuir na h-uaislean a' Ghaidhlig mhilis air aghart, oir tha seanachas agus beul-aithris agus litreachas nan Gaidheal a' nochdadh gu soilleir gu 'm beil coir iomlan aig an t-sluagh air an fhearann a tha na h-uaislean a' cumail fo fheidh agus fo chaoraich. Tha cuid de na Comunnan so a' deanamh an dichìoll a dh' fheuchainn am faigh iad na gillean Gaidhealach a ghabhail anns an arm dheirg, ged nach eil e soilleir ciod a tha aig sin ri dheanamh ri Comunn Ghaidhlig. Co dhiubh, is iad-san a tha deanamh so, naimhdean a's miosa a bha aig na Gaidheil riamh, agus tha e cinnteach gu 'n do rinn iad mòran uile do 'n Ghaidhlig a

cheana. Tha cuid eile a' tional sgeulachdan agus dhàn agus eòlais air seann chleachdainnean. Tha sin gle mhath, ach cha bhi a' Ghaidhlig air a cumail suas le sin a mhàin, gu h-àraidh 'nuair a tha na nithe sin air an clo-bhualadh anns a' Bheurla. Tha aon diubh a' toirt beagan leabhraichean Gaidhlig do 'n chlann mar dhuaisean. Tha sin ni 's fearr, ach cha dean sin an gnothach gu h-iomlan, oir cha 'n urrainn do 'n chlann a bhi 'gan leughadh mur eil iad air an teagasg; agus cha teagasg na maighistearan-sgoile a' Ghaidhlig no cànan sam bith eile dhaibh, ma chailleas iad airgid ris a' ghnothach. Nan d' thoireadh na Comunnan Gaidhlig do na maighistearan-sgoile an t-airgid is àbhaist daibh a chaitheadh air cuirmean airson nan uaislean, cha bhitheadh e fada gus am bitheadh a' Ghaidhlig air a teagasg anns gach sgoil air feadh na Gaidhealtachd. Tha feum mòr againn air Comunn Ghaidhlig a ghabhadh cuis na Gaidhlig os làimh gu surdail, dealasach; Comunn a dheanadh a dhìchioll air a son gach latha de 'n bhliadhna. Dheanadh aon Chomunn math, tuilleadh feum na fichead de 'n t-seòrsa a tha ri fhaighinn an drasd, agus 'nuair a bhitheas a leithid de Chomunn ann, tha sinn am barail gu 'm faigh e cuideachadh gu leoir bho na daoine a tha da rìreadh. Bha Comunn ùr suidhichte o cheann beagan bhliadhnaichean, agus bha sinn an dochas gu 'n deanadh iad rud-eiginn feumail airson na Gaidhlig, ach rinn na luchd-riaghlaidh a' cheart mearachd a rinn na Comunnan eile, agus thoisich iad aig a' cheann chli, agus a nis tha iongantas orra a chionn nach eil iad a' faighinn a' chobhair ris an robh duil aca. Cha 'n eil miann oirnn facal a radh an aghaidh ni sam bith a rinn an Comunn sin airson ar cainnt, ach bheireamaid fainear gu 'n d' fhàg iad gun deanamh a' cheart ni a's cudthromaiche; oir ciod am feum a bhi tairgse dhuaisean airson litreachas Gaidhlig, 'nuair nach urrainn do choignear ghillean anns gach ceud, fichead facal Gaidhlig a sgrìobhadh gu pongail. Tha e cinnteach gur e teagasg na Gaidhlig anns na sgoilibh a' chiad cheum a chum litreachas nan Gaidheal a leasachadh. An saoil fear sam bith nach bitheadh tuilleadh luchd-leughaidh aig MAC-TALLA nan robh a' Ghaidhlig air a teagasg anns na sgoilibh air feadh Chanada, agus air feadh na Gaidhealtachd? Tha fear-deasachaidh MHIC-TALLA agus fear-deasachaidh "An Naigheachd Ghaidhealach," ann an Albainn, a' deanamh tuilleadh airson na Gaidhlig na rinn na Comunnan Gaidhlig uile a tha air thalamh. Ach cha do chuala sinn riamh gu 'n do ghabh Comunn Gaidhlig sam bith aon no da àireamh de MHAC-TALLA gach seachdain, agus ged a rinn fear-deasachaidh "An Naigheachd Ghaidhealach" oidheirp a's fearr agus a's feumaile a thaobh na Gaidhlig a rinneadh riamh ann an Albainn, cia mead Comunn Gaidhlig a chuidich leis anns an obair mhaith? Nach ann a rinneadh oidheirp gu bacadh a chur air!

Is urrainn do an t-sluagh iad-fein a Ghaidhlig a chur anns na sgoilibh ma 's toigh leo sin a dheanamh, ach tha na Gaidheil Albannach cho tràilleil air an latha an diugh agus nach dean iad gluasad sam bith gus a chrìoch sin, mur eil na h uaislean aig ceann a' ghnothaich; agus an àite comhairle an cairdean dileas a ghabhail, is ann a tha iad a' roghnachadh tighearnan an fhearainn, agus bailidhean, agus eadhon Sasunnaich mar fhir-riaghlaidh nan sgoilean, feadhainn a tha dìreach an aghaidh na Gaidhlig agus nan Gaidheal. A nis, ma bhitheas na caoraich cho amaideach agus gu 'n cuir iad madadh-allaidh os an cinn, faodaidh iad a bhi cinnteach gu 'm bi iad

air an sgrios. Shaoileadh neach gu 'm bitheadh na Gaidheil ni 's glìce agus iad cho tric air an reiceadh agus air am brathadh leis na h-uaislean; ach is fìor an sean-fhacal, "Is ann an deigh làmh a tha na Gaidheil glìc."

Lunnainn.

L. L.

[TD 274]

[Vol. 6. No. 35. p. 2]

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

B'è GILLEASBUIG, darra Iarla Earraghael. Shuidhich Seumas IV. e anns na caochladh àrd dhreuchdan 's an robh athair. Bha e pòsda ri Ealasaid, nighean Iain Stiubhairt, Iarla Lenocs. Bha ceathrar mhac aige, Cailean, an t-oighre, treas Iarla Earraghael, Gilleasbuig, Domhnull agus Iain. B'è Iain prìomh-athair teaghlach Chaudeir. Phòs e Muriella, nighean Sir Iain Calder. Fhuair e oighreachd Chaldeir leathase, agus uathasan thainig Caimbeulaich Chaldeir. Bha mar an ceudna, seathnar nighean aig an Iarla. Bha iad uile pòsda. Phòs Ealasaid, an te b' òige, Lachluinn Mac 'Illeain Dhuard, ogha Lachluinn Oig, a bha posd' aig nighean Chailean, ceud Iarla Earraghael. Chaidh Iain, Mac a brathar, 'ga faicinn do Dhuard, 's e na bhalachan òg. Cha robh na Caimbeulaich 's Cloinn Illeain mòr aig a' cheile, agus 'se rinn na Leathanaich an gille bochd a chuartachadh le teine mor leis an robh e air a losgadh cho dona 's nach mor nach d' fhuair e 'm bàs. 'Thaobh an dreach a dh' fhadh làrach an teine air aghaidh, thugadh Iain gorm mar fhar-ainm air. Cha b' ann ni b' fhearr a dh' fhiach iad ris a bhain-tighearna fhéin. Bha fuath aca dhi a thaobh 's gum a ban-Chaimbeulach i. 'S e bh' ann gu 'n do rùnaich iad cur as d'i le a fàgail air creig mara 'chum is an uair 'thigeadh an làn a stigh gun sguabadh e 'm boirionnach truagh do 'n ghrund. Bha Freasdal fabharach dhi, oir chuala cuideiginn a glaothaich, agus thug iad i gu sàbhailte gu tigh a h-athair. Cha do thill i gu Duaird gu bràth tuille. Bhòidich a bràthair, Iain Chadair, gum biodh beath' a companaich, Lachluinn Dhuard, aige, na faigheadh e greim air. Bha fios aig Lachluinn air so, 's bha e seachnadh a Chaimbeulaich. Ach 'nuair bha e na sheann duine, ceithar fichead bliadhna dh' aois, co gu mi-shealbhach a choinnich ris air straid Dhuneidin ach gum b'è an'aon duine measg sluaigh an t-saoghail nach robh e 'g iarraidh fhaicinn. Cha bu luaithe dh' aithnich an Caimbeulach co bh' aige na shath e an claidheamh ann. Tha "Creag na Bain-tighearn'" air a comharrachadh a mach do luchd-turuis gus an latha an diugh eadar Liosmor agus Muile. Thug an rìgh mar onair do Ghilleasbuig Earraghael, comannda toiseach an fheadh Albannaich a bhi aige ann am blàr Flodden. Chuireadh an cath air an naoidheamh latha de mhios mheadhonach an fhoghair, 1513. Bhuadhaich na Sasunnaich. 'Nuair bha 'm baiteal seachad bha rìgh Seumas agus tri deug de chuid Iarlachan 'nan sineadh anns an àraich;

'nam measg sud bha Iarl' Earraghael.

Thainig CAILEAN, am mac bu shine, thun na h-oighreachd. B' esan treas Iarla Earraghael. Bha rìgh Seumas V. gle òg 'nuair a dh' eug 'athair. Bha Alba fad cheithir bliadhn' deug air a riaghladh le ard uaislean na tìre, a bha fad na h-uine 'stri ach co aige bhiodh an Tainistearachd. Anns a bhliadhna 1528 ghabh an rìgh riaghladh na dùthcha na làimh féin. Bha Earraghael, mar bha 'athair 's a sheanair, anns na dreuchdan a b' airde 's bu chudthromaiche anns an rioghachd ri linn Sheumais V. Bha 'Mhòrachd Rioghail cho riarraichte leis an dòigh anns an do choimhlion e na dleasnais fa leith a bhuineadh do na caochladh dhreuchdan sin 's gu 'n do bhuilich e air tighearnas Abernethi greis ro àm a bhais. Bha e pòsda ri Seònaid nighean Alasdair, Iarla Huntli. Bha triùir mhac aige, agus aon nighean; Gilleasbuig an t-oighre, Iain, bho 'n d' thainig Caimbeulaich Balerno agus Stonefield, agus Alasdair, Deadhan, no fear-ionaid-easbuig am Moraigh. Bha a nighean pòsda ri Seumas Stiùbhart, Iarla Mhoraigh, mac do Sheumas IV, agus an deigh a bhàis, aig an Iarla Sutherland. 'Nuair dh' éirich an Dùghlasach, aig a chrich Shasunnaich, ann an ceannairc an aghaidh an rìgh, 's e Earraghael a fhuair gairm gu dhol air ceann feachd gu a thoirt fo chis. Ann an ùine nach robh fada b' eigin do 'n Dhùghlasach géilleadh. Chaochail an t-Iarla Cailean anns a bhliadhna 1542, agus thainig a mhac

GILLEASBUIG, an ceathramh Iarla 'na àite. Bha moran luasgainn an Alba aig an àm so. Chaochail an rìgh Seumas V. air a bhliadhna so, (1542), 's gun oighre chrùn, Màiri iomraiteach, ach beagan laithean a dh' aois. Bha stri dhion car ùine eadar an Cardinal Peutan agus Iarla Arrain ach co aige 'bhiodh an Tainistearachd. Ach mu dheireadh bhuanig an t-Iarla. Bha Eanruic VIII., rìgh Shasuinn, a cur roimhe gu 'm biodh Ban-rìgh òg Alba, agus a mhac fhein, Eideard, air am pòsadh ri chéile. Ach bha na h-Albannaich a cheart cho dian an aghaidh sin. Bha Earraghael air aon de na maithean a bhòidich le cheile gu 'n seasadh iad an aghaidh a phòsaidh so a bha dol a dh' aonadh an da chrùn ri chéile; "Ni," ars' iadsan, "a bhiodh na mhor eas-onair, na olc maireannach, agus na lom-sgrios air saorsa agus àrd-uaisleachd na rioghachd." Dh' aobharaich so cogadh eadar an da rioghachd. Bha Earraghael a mach air ceann feachd an aghaidh nan Sasunnach a thainig le 18,000 saighdear thar na crìch Shasunnaich, agus ged do chaill na h-Albannaich cath Phinkie, cha ghéileadh iad 's iad beò. 'S ann a thionndaidh e Alba uile an aghaidh an ni bha Sasuinn ag iarraidh. "Cha 'n eil dad agam an aghaidh an òganaich," ars' Iarla Huntli, "ach 's beag orm an doigh suiridhe." Chaidh a Bhan-rìgh òg a chur do 'n Fhraing gu bhì 'n àite sàbhailte, agus gu àrd fhoghlum fhaotainn. Bha Gilleasbuig pòsda tri uairean, an toiseach ri nighean Iarla Arrain, bho 'n robh aon mhac aige, Gilleasbuig Donn, an coigeamh Iarla. Bha e 'n dara uair pòsda ri nighean Uilleam Iarla Mhonteith, bho 'n robh mac is dithis nighean aige; Cailean, a thainig thun na h-oighreachd an deigh bàs a bhrathair, Gilleasbuig Donn; Mairearad, a cheud nighean, agus Seònaid, a bha pòsd aig Eachunn Mac 'Illeain, á teaghlach Dhùaird. B'e Gilleasbuig so a cheud aon de 'n teaghlach a bha de 'n chreidimh Phròstanach. Bha teaghlach Earraghael gus a so nan luchd-leanmhuinn

air eaglais na Ròimhe, no an eaglais Chaitliceach. Bho 'n àm so a mach bu Phròstanaich teaghlach Earraghaeil. Chaochail Gilleasbuig, an ceathramh Iarla, anns a bhliadhna 1558.

(Ri leantuinn.)

<eng>AFRICA.<gai>

Cha 'n eil amhainn air an t-saoghal a's modha cliu 's beartas na 'n <eng>Nile<gai>, amhainn iomraiteach na h-Eiphit. Chaidh iomadh linn 'us ginealach seachad o'n thoisich amhainn reamhar na h-Eiphit air leasachadh brioghmhor a sgaoileadh aig am sonruichte de 'n bhliadhna, air achaidhean 'us comhnardan na dùthcha gu leir. Cha robh fios aig na sean Eiphitich air an aobhar gu robh an <eng>Nile<gai> aig àm sonruichte, lom-lan de uisge 's a' dol thar a bruachan le sruth laidir, agus mar so, ag urachadh aghaidh na tire agus a' toirt do gach lean, 'us achadh, 'us lios, 'us learga, comais air toradh trom, tiugh a ghiulan. Is e sgeula neonach a tha aig <eng>Herodotus<gai> ri innseadh mu dheibhinn an aobhar a tha 'toirt air an <eng>Nile<gai> le uisgeachan an-mhor dol thar a bruachan. Tha da fhichead bliadhna 'nis o'n fhuair Speac 'us Granddach a mach na h-ionadan anns am bheil an amhainn mhor so ag imeachd air tus air a turus fada thairis air mìle creag, 'us eas, 'us aite gaireach, gus fa-dheoidh am bheil i 'ga dortadh fein le 'uisgeachan troma anns an fhairge. B' abhaist di seachd beoil no claisean a bhi aice 'nuair a bha i 'ruigheachd na fairge. Cha 'n eil a nis ach aon aice, oir lion a ghainmheach luasganach na beoil eile. Is ann an uair tha 'ghrian a' leaghadh an t-sneachd' air na cnoic arda 'tha mu dheas de 'n Eiphit, a tha uisgeachan na <eng>Nile<gai> gu mor air am meudachadh, agus, air an aobhar so, tha i 'sgaoileadh a h-uisgeachan a tha lan de bhrìgh 'us de leasachadh air aghaidh na dùthcha. Is maith a b' aithne do na daoine 'bha bho chian a' tuineachadh ann an Assiria, ann am Babilon, agus anns an Eiphit, claisean-uisge 'dheanamh, agus mar so an guirmead 'us cuineas urail, grinn a thoirt do mhìle slìos 'us comhnard a bhitheadh as uagmhais an urachaidh so, loisgte, lom, neo-thorrach.

Bha rìghrean de 'daoine fein no de na fineachan a bha mu timchioll a' riaghachadh thar tìr na h-Eiphit, gus an do bhuaidhaich Alasdair Mor bho Mhacedonia thairis air an ear gu leir. Is e ainm a ghaisgich bhuaidhmhoir so tha Alecsandria, baile mor anns an Eiphit a' giulan gus an latha 'n diugh. An deigh do 'n cheannard mhearganta so caochladh, chaidh an rioghachd anabarrach a chiosnaich e 'roinn 'na cheithir earrannan.

Bha aon gu sonruichte de na rìghrean a fhuair an Eiphit mar an cuibhrìonn, fogh-

[TD 275]

[Vol. 6. No. 35. p. 3]

luimte, ealanta, 'us 'na charaid dileas, faoilidh do ionnsachadh. Thog e Leabhar-lann eireachdail, maiseach, fiachail, anns an do chur e gach leabhar maith a b' urrainn da fhaotainn airson gaoil no airgid air feadh an t-saoghail air an robh eolas aige. Is e ionmhas ro-mhor 'us aillidh a bha 's an Leabhar-lann ud. Chuir <eng>Omar<gai> aon de na h-uachdarain a thainig an deigh Mhahomait, teine ris an Leabhar-lann-an t-amadan aineolach, bochd,-agus mar so chaill an saoghal gu brath moran de na smuaintean 'us de na leabhraichean a bhuineadh do na daoine treubhach 'us do na feallsaimhean foghlumte 's ard-inntinneach a thug meas 'us miagh d' an dùthaich 'us d' an daoine fein anns na linntean aosmhor a bha 's a dh' aom. Dh' eirich grian na buaidh air na Romanaich, agus fhuair iad lamh an uachdair air an Eiphit maille ri iomadh rioghachd 'us daoine eile. Is ann as an tir bheartach so a' thainig moran de 'n bhiadh a bha miltean baile-moir na Roimhe 'g itheadh. Chaill na Romanaich mu dheireadh an lugh 's an treoir, agus dh' fhas iad fann, lag, 'us leisg leis gach ana-measarrachd 'us ruidhtearachd anns an do chaith iad an spionnadh agus an uine, gus an tainig crioch narach, mhuladach air an rioghachd, fharsuing, mhiorbhuileach a thogadh suas le gairdean cumhachdach, le cruadal duineil, le gliocas gasda 'us le seoltachd teoma iomadh Romanach o'n thoisich ainm 'us beatha nan daoine so air seachd cnoic na Roimhe. Cha robh na fineachan breuna, borba, leth-ruisgte 'dhoirt a nuas 'n am miltean air an rioghachd Romanach bho iar-thuath na Roinn-Eòrpa, fada 'faotuinn na slighe do <eng>Africa<gai>. Thug iad buaidh air ceann mu thuath a mhor-roinn so, agus rainig iad an Eiphit mu dheireadh. Co luath 's a dh' fhas Mahomait agus a luchd-leanmhuinn laidir, lionmhor, ladarna chiosnaich iad an Eiphit agus na rioghachdan eile 'tha air taobh mu thuath <eng>Africa<gai>. Tha craobh mhosach, mharbhanta ann, d' an ainm a' Chraobh Upais, d' an abhaist gach feur min, agus gach flur bhoidheach, a chur gu bas leis an fhaile dhona 'tha i 'cur uaithe. Is ann air a' mhodh cheudna 'tha creidimh 'us rioghachd Mhahomait a' deanamh uilc, 's a' dealbhadh truaighe 's eucorach, 'us a sgaoileadh fulangais 'us aingidheachd 'us leir-sgrios anns gach cearna de 'n t-saoghal anns am bheil cumhachd aige. Do 'n t-<eng>Sultan<gai> bhruideil, charach, tha tir na h-Eiphit 'us ceann mu thuath <eng>Africa<gai> gu leir a' paigheadh cis, oir nach e fein, am ball-sgaire bochd, ard-uacharan no Suserein nan rioghachdan ud.

Is e Chedibhe an t-ainm rioghail a tha uachdaran na h-Eiphit a nis a' giulan. Fhuair seanair struidheil a' Chedibhe 'tha nis a' riaghladh na h-Eiphit ann an ainm co-dhiu, uamhas airgid bho Bhreatunnaich, bho Fhrangaich, agus bho Ghearmailtich, gus fa-dheoidh, o'n nach robh e 'paigheadh aon chuid reidh no calpa, an do ghabh na rioghachdan ud sealbh, ann an tomhas mar air cisean 'us riaghladh na h-Eiphit. Ach innsidh mi 'n sgeula so anns an ath litir a sgriobhas mi.

CONA.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. VIII.

Bha mi gu math tric a' dol a bhruidhinn ris an rìgh. Air latha araidh thuirt e rium, "A Shindbad, tha tlachd mor agam dhìot; agus tha mi 'tuigsinn gu'm bheil meas aig an t-sluagh ort mar an ceudna. Tha mi 'dol a dh' iarraidh aon ni ort, agus tha mi 'n dochas gu'n dean thu mar a dh' iarras mi ort."

"Le 'r cead, a' rìgh," arsa mise, "ni mise ni sam ni sam bith a dh' iarras sibh orm, msr chomharradh air m' umhlachd dhuibh, o 'n tha mi buileach fo ur riaghladh."

Cha bu dana leam cur an aghaidh toil an rìgh. Air a chomhairle phos mi aon de mhnathan-uaisle na cuirte. Bha i 'na boirionnach anabarrach maiseach, cliuiteach, agus bha saobhreas gu leor aice. An deigh dhuinn posadh, chaidh mi dh' fhuireach do 'n taigh a bh' aice agus bha sinn car uine gle mheasail air a cheile. Ach feumaidh mi radh nach robh mi cho riarraichte le mo staid 's bu mhath leam, agus air an aobhar sin chuir mi romham gu'n teichinn agus gu 'n tillinn gu ruige Bagdad a cheud chothrom a gheibhinn. Ged a bha mi math gu leor dheth far an robh mi, cha robh e 'n comas dhomh an duthaich do 'm buininn a leigeadh air dichuimhn.

An uair a bha mi 'smuaintean air so, dh' fhas bean mo choimhearsnaich gle thinn, agus an uine ghoirid dh' eug i. Bha meas mor agam air a choimhearsnach so, agus chaidh mi g' a fhaicinn a chum comhfhurtachd a thoirt dha an am a' bhroin. Bha e anabarrach bronach, agus cho luath 's a chunnaic mi e, thuirt mi, "Gu'n gleidheadh Dia thu, agus gu'n tugadh e dhut saoghal fada."

"Ochan!" ars' esan, "cia mar a tha thu 'smaointean gu'm faigh mise am fabhar a tha thu 'guidhe dhomh? Cha'n 'eil bhar uair de shaoghal agam."

"Tha mi 'guidhe ort nach bi thu 'g arach a leithid sin de smuaintean muladach na 's fhaide. Tha dochas agam nach tachair dhut mar a tha thu 'g radh, ach gur ann a bhios mi fhein 's tu fhein ann an coimhearsnachd a cheile fad iomadh bliadhna," arsa mise.

"Is e mo mhiann," ars' esan, "gu'm faigheadh tusa saoghal fada; ach air mo shonsa dheth, tha mo laithean aig an ceann, oir feumar mo thiodhlacadh an diugh fhein comhladh ris a mhnaoi. Is e so an lagh a shuidhich ar n-athraichean anns an eilean so, agus bha e riamh air a choimhead gu curamach. Feumar am fear a thiodhlacadh comhladh ris a' mhnaoi an uair a gaeibh i bas, agus feumar a bhean a thiodhlacadh comhladh ris an fhear an uair a gheibh e bas. Cha 'n 'eil rathad agam air a dhol as: oir feumaidh na h-uile 'bhith umhail do 'n lagh so."

Am feadh 's a bha e 'toirt cunntais dhomh air a chleachdadh bhruideil so a bha 'cur eagail agus uamhais air, thainig na cairdean, an luchd-eolais, agus na coimhearsnaich thun an taighe gus

an tiodhlacadh a dheanamh. Chuir iad an trusgan a b' fhearr 's bu riomhaiche a bh' anns an tigh mu'n bhoirionnach, mar gu'm b' e latha na bainnse aice a bhiodh ann. Chuir iad a cuid sheudan gu leir oirre, agus an uair a chuir iad ann an ciste fhosgailte i, dh' fhalbh iad leatha dh' ionnsuidh an ait' adhlacaidh. Bha a fear a' coiseachd air cheann na cuideachd agus a leantuinn a chuirp. Dhirich iad suas gu mullach beinne a bha gle ard, agus an uair a rainig iad e, thog iad clach mhor a bha comhdachadh beul sluic, agus leig iad sios an corp le a chuid aodaich agus sheudan. An uair a ghabh a fear a chead dhe 'chairdean 's de luchd-daimh, chuireadh ann an ciste fhosgailte e mar an ceudna, agus chuireadh soitheach uisge agus seachd breacagan arain anns a' chiste comhladh ris, agus leigeadh sios anns an t-sloc e mar a rinneadh air a mhnaoi. Bha 'bheinn fada, agus bha i ruighinn a dh' ionnsuidh na mara. An uair a bha h-uile cuis seachad chuireadh a chlach air béul an t-sluic agus thill sinn dhachaidh.

Is gann a ruigeas mi leas, a dhaoin' uaisle, inneadh dhuibh gur mi fhein an aon duine a bha fo lion-dubh dhe na bh' aig an tiodhlacadh. Cha robh a chuis a bh' ann a' cur moran dragha air cach, oir bha iad cleachdte ris.

Cha b' urrainn domh gun bruidhinn ris an righ mu 'n chuis. "Le 'r cead a righ," thuirt mi ris, "cha 'n urrainn domh gun bhith fo mhor iognadh air son a chleachdaidh a th' agaibh anns an rioghachd so an uair a tha sibh a tiodhlacadh nam beo comhladh ris na mairbh. Shiubhail mi fad is farsuinn, agus chunnaic mi iomadh duthaich, ach cha chuala mi, riamh iomradh air lagh cho eucorach ris an lagh so." "Ciod a tha thu 'ciallachadh, a Shindbaid?" ars' an righ. "Is e lagh cumanta 'th' ann. Bidh mise air mo thiodhlacadh comhladh ri mo mhnaoi fhein, ma 's i a gheibh bas an toiseach."

"Ach le 'r cead," arsa mise, "am faod mi fhaighneachd dhibh am feum coigrich a bhith striochte ris an lagh so?"

"Gun teagamh sam bith," ars' an righ ('s fiamh gaire tighinn air an uair a chual' e mo cheisd), "cha 'n 'eil dol as aca ma's anns an eilean so a phosas iad."

Chaidh mi dhachaidh, agus mulad gu leor orm an deigh na chunnaic 's na chuala mi; oir bha eagal mor orm gu 'm faigheadh mo bhean bas air thoiseach orm fhein, agus gu 'n rachadh mo thiodhlacadh maille rithe. Ach cha robh comas air. Dh' fheumainn foighidin a bhith agam, agus a bhith umhail do thoil Dhe.

(Air a leantuinn air taobh 278.)

[TD 276]

[Vol. 6. No. 35. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00
Sia miosan,50
Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI. 25 FEBRUARIDH 1898.

Tha 'n còrdadh a rinn an t-Ard-Riaghladh ri MacCoinnich agus Mann air son rathad-iaruinn a chur a dh' ionnsuidh a' Chlondaic ag aobharachadh moran còmhstri agus bruidhne anns a phàrlamaid. Tha iadsan a tha 'n aghaidh an Riaghlaidh a' deanamh a mach gu bheil MacCoinnich agus Mann a' faotuinn tuilleadh 'sa chòir air son na h-obrach. Cha'n e gu bheil sgillinn airgeid ri bhi air a thoirt dhaibh, ach tha moran fearainn air a ghealltuinn dhaibh air gach taobh dhe'n rathad, mu 3,750,000 acaire uile gu léir. Cha'n fhiachlam fearann sin ni sam bith mur eil òr no miotailt eigin eile ri fhaotainn ann. Cha'n eil fhios co-dhiu tha no nach eil sin ann, agus uime sin tha iad ag ràdh nach bu chòir do'n riaghladh uiread fearainn a thoirt seachad gun fhios a bhi aca ciod is fhiach e. Air an laimh eile tha 'n Riaghladh ag ràdh gu feumar an rathad a chur air obair cho luath 'sa ghabhas deanamh air son an dùthaich fhosgladh, agus gu'm b' iad so na h-aon daoine a thug tairgse reusanta dhaibh air son an rathad a dheanamh; tha iad ag ràdh mar an ceudna nach eil cinnt sam bith gu bheil am fearann saobhir ann an òr no ann am miotailt sam bith eile, agus gu'n cailleadh an dùthaich barrachd 'sa bhunaicheadh i le dàil a chur ann an deanamh an rathaid-iaruinn gus am faighte mach ciod a ghnè fearainn a tha MacCoinnich agus Mann a faotainn. Cha 'n eil teagamh nach bi an rathad air a chur air adhart mar is còir, ach 'se 's dòcha gu'n teid còrdadh ùr a dheanamh ris a chuideachd agus nach bi uiread de shochairan air am buileachadh orra. Tha e gle cheart gu'm biodh an dùthaich faiceallach ann an gnothuch dhe'n t-seòrsa so, oir cha bu chòir cumhachan a dheanamh ri cuideachd sam bith a dh' fhaodadh a bhi a chum call an t-sluaigh an deigh laimhe. 'S còir do 'n t-sluaigh an còirichean fhéin a chumail.

Cha d' fhuair sinn sgeul na "Polly" a thoirt gu crìch air an t-seachdain so mar a bha sinn an duil. Ach is sgeul thaitneach i, agus

tha fhios againn nach misde le ar leughadairean i bhi na's fhaide na bha sinn a smaoineachadh a bha i. Bidh sgeul na "Polly" fhathast feumail do luchd-eachdraidh. Tha sinn cinnteach gu bheil iomadh sgeul eile a thaobh ceud luchd-àiteachaidh na dùthcha so a ghabhadh innse an diugh ach a bhios gu tur air diochuimhne an ceann beagan bhliadhnaichean. Bu chòir oidhearp a thoirt air eachdraidh ceud luchd-àiteachaidh na dùthcha a sgrìobhadh.

Facal a Loch Ainslie.

A CHARAIDE:—Bha mi an dùil sgrìobhadh g' ad ionnsuidh bho chionn treis a dh' ùine, ach bha mi 'ga leigeil seachad bho àm gu àm. Ach tha an sean-facal ag ràdh gur fhearr tighinn anmoch na gun tighinn idir.

Thainig fear Hart a nuas á Pennsylvania deireadh na seachdain s'a chaidh air son tòiseachadh air cladhach air son olla. Tha e a dol a chur derrick suas gun dàil. Tha sinn an dòchas gu 'ri soirbhich gu math leis, agus gu'm bi timeannan matha againn air an t-samhradh s'a tighinn.

Tha 'n t-side agus na roidean gle mhath an dràsda. Tha an deigh gle mhaith cuideachd, agus tha gach fear a tha a smaoineachadh gu bheil each luath aige, a mach leis.

Chaidh Comunn Deasbaireachd a chur air chois an so bho chionn mìos, agus tha an gnothuch a soirbheachadh gu maith leothasan a tha 'ga chur air adhart.

Tha na tuathanaich an deigh an cuid connaidh fhaotainn dhachaidh, agus cha'n eil rompa a nis ach fhaighinn air a losgadh, ni a theid aig na boirionnaich air a dheanamh gle mhath. Is mi do charaid,

AN GILLE DONN.

Bha da cheud gu leth duine air an t-soitheach-smùide "Bruce" a tigh'nn a stigh do Shidni Tuath Di-màirt. Thainig iad uile á Newfoundland, agus tha iad air an turus gu Columbia Bhreatunnach air son a dhol a dh' obair air an rathad-iaruinn aig <eng>Crow's Nest Pass.<gai> 'S e 'n tuarasdál a tha iad gu fhaotainn dolair gu leth 's an latha. Ma leanas am "Bruce" air ruith ro fhada bidh àireamh nan con agus nan daoine gu math na 's lugha ann an Newfoundland na bha iad toiseach a gheamhraidh.

Tha Sir Domhnull <eng>Smith<gai> a nise 'na mhorair, agus air an t-seachdain s'a chaidh ghabh e 'àite-suidhe ann an Tigh nam Morairean ann an Lunnainn. Tha e gle thaitneach do mhuinntir Chanada an duine chuir iad a null mar fhear-ionaid do cheanna-bhaile na h-Impireachd a bhi faotuinn urram cho mor. 'Se "Morair Strathchona agus na Beinne Rìoghail," an t-ainm a ghabh Sir Domhnull dha féin air dha a bhi air a dheanamh 'na Mhorair.

Cha'n eil bliadhna dol seachad gun muinntir Cholumbia Bhreatunnach ionnsuidh a thoirt air tuilleadh bacaidh a chur air na Sineich a tigh'nn do Chanada. Tha aca 'n dràsda ri leth-cheud dolair am fear a phàigheadh a tigh'nn do'n dùthaich agus tha fear de'n luchd-pàrlamaid am bliadhna air son am t-suim àrdachadh gu coig ceud dolair. Ach cha deanar sin' idir.

BATHAR MATH SAOR.

Am bheil Deise, Cota, Cot'-uachdair, Currachd, Brogan, Rubbers, no ni sam bith dhe 'n t-seorsa sin a dhith ort? Ma tha ruig
TORMAD DOMHNULLACH.

'S ann aige tha 'm bathar a's fhearr 's a's saoire tha 'sa bhaile, agus ma theid thu dh' an stor aig' aon uair, theid thu ann a rithist.
Na leig so as do Chuimhe.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 277]

NAIDHEACHDAN.

Tha fad math air tighinn anns an latha; tha còrr us uair us tri chairteil air a dhol ris o'n thainig a bhliadhn' ùr.

Chaidh gille beag ann an <eng>Oxford, N. S., <gai> mac do Sheumas A. King, a mharbhadh air an t-seachdain s'a chaidh le e dh' òl deoch de stuth puinnseanta a fhuair e ann am botull.

Tha coig fir dheuga agus aon bhoirionnach anns a' phrìosan 'sa bhaile so an dràsda, an àireamh a's motha bh' ann aig aon àm o chionn bhliadhnaichean. Tha sianar dhiubh aig am bheil ri sia mìosan a chur seachad ann.

Tha factoridh-ime ri bhi air a cur suas ann an <eng>New Glasgow<gai> air an t-samhradh; cosgaidh i eadar a dha s'a tri mhiltean dolair. Tha sinn an dochas nach teid moran ùine seachad gun taighean dhe 'n t-seòrsa cheudna bhi ann an Ceap Breatunn.

Tha sinn toilichte fhaicinn gu bheil an t-Urr. Uilleam Calder, a bha gu tinn o chionn da mhios air ais, air a dhol gu math am feobhas. Shearmonaich e ann an eaglais <eng>St. Andrew's<gai> 'sa bhaile so, la na Sàbaid s'a chaidh, maduinn us feasgar. Shearmonaich an t-Urr. Mr. Forbes an latha sin an Eaglais an Aiseig, am Mira.

Oidhche Dior-daoine air an t-seachdain s'a chaidh ann am baile <eng>New York,<gai> chaochail <eng>Miss Frances Willard<gai>, aig aois da fhichead bliadhna 'sa seachd deug. Riamh o'n bha i 'na caileig òig bha i 'g obair gu dian air taobh stuamachd, agus bha soirbheachadh mor leatha. A mach o bhan-rìgh <eng>Victoria<gai>, 's gann gu robh boirionnach air an t-saoghal a bha cho ainmeil rithe.

Tha càise Chanada a faotainn margadh math ann am Breatunn. Dhe gach còig puinnnd a chaidh a chur gu feum anns an t-seann dùthaich an uiridh, chaidh tri puinnnd a cheannach anns an dùthaich so. Cheannaich muinntir Bhreatainn an uiridh fiach da fhichead muillean dolair de dh' ìm, ach cha d' rinneadh dhe 'n ìm sin ann an Canada ach mu fhiach da mhuillean us cairteal. Tha daoine 'n dòchas nach teid moran bhliadhnaichean seachad 'nuair a bhios im Chanada a cheart cho measail ann an Sasuinn 's an Alba 's a tha a cuid càise cheana.

Chaidh ceithir fichead us sia duine deug a chall air a chabhlach-iasgaich a tha dol a mach á Gloucester, Mass., air a bhliadhna chaidh seachad. Dh' fhàg iad sia bantraichean deuga, agus da fhichead 'sa coig de dhilleachdain. Bha an àireamh bu mhotha dhe na daoine bochda gle òg-eadar fichead us còig bliadhna fichead a dh' aois. Bhuineadh tri fichead 'sa coig dhiubh do na Roinnean Iseal 's do Newfoundland. Cha 'n eil teagamh againn nach buineadh roinn mhath dhiubh sin do Cheap Breatunn. Cha 'n eil bliadhna dol seachad gun àireamh de ghillean an eilein so a bhi air an call air cabhlach-iasgaich Ghloucester.

Tha an sgeul a dh' innis sinn air an t-seachdain s'a chaidh mu chall an t-soithich chogaidh "Maine" ann an Cuba, fìor gu leòr. Bha i air a smùideadh as a chéile 's air a tur mhilleadh, agus chailleadh da cheud 's da fhichead 'sa h-ochd deug dhe na bh' air bòrd; b' oifigich dithis dhiubh. Bha cuid a' deanamh a mach an toiseach gu robh na Spàinntich coireach ris a' ghnòthuch, ach cha 'n cha 'n eil dearbhadh sam bith air sin. Ma bha duine sam bith coireach, a reir coltais 's iad oifigich an t-soithich fhéin; mur do rinn iad an dleasdanas a thaoibh fhaicinn gu robh gach ni ceart mu'n do ghabhadh mu thàmh. Ach tha e doirbh a dheanamh am mach an robh coire aig neach sam bith ris. Bu sgiorrachd uamhasach e, sgiorrachd nach do thachair ach ainneamh a leithid riamh roimhe.

Litir a Boston.

FHIR-DEASACHAIDH:—Ged a tha mo lamh air bhalla-chrith, 's ged a dh' fhaodas mo sgrìobhadh a bhi car dona, bheir mi oidhearp air beagan fhacal a chur ad ionnsuidh air na dh' fhaodas mi fhaicinn 's chluinntinn anns a bhaile mhor so, a bhitheas na naigheachd dhuibh shìos ann an Ceap Breatunn.

'Sa cheud àite faodaidh mi innse dhuit gu robh stoirm ghabhaidh shneachda againn toiseach a mhios so, stoirm dhe'n t-seòrsa cho uamhasach 's a dh' fhuirich sinn bho chionn aireamh mhor bhliadhnaichean. Bha gach seòrsa malairt air feadh a bhaile air a chur gu stad gus an d' fhuair an sneachda a ghlanadh air faibh dhe na sraidean. Chaidh moran shoithichean a bhristeadh timchioll na h-acarsaid agus iomadh fear tapaidh a chall orra; ach mar a thuirt am fear roimhe, is olc a ghaoth a shéideas nach dean feum do chuideigin. Is iomadh duine bochd 'sa bhaile so aig nach robh fios ciamar a gheibheadh e aran an latha maireach a fhuair obair a glanadh nan sraidean de'n t-sneachda. Is lionmhor Paddi a bha mach gu moch 'sa mhaduinn ud a sireadh obrach, cha'n ann a mhàin airson biadh a chosnadh, ach mur a d' thuirt iad fein airson <eng>"Drap o' the cratter."<gai> Is ann air cuideachd carbad na sraide agus air cuideachd an <eng>"telegraph"<gai> a bu truime a bha 'n call. Tha e air a mheas gu'n do chosg an soirm ud do bhaile Bhoston mu thimchioll da cheud gu leth mìle colair, eadar gearradh air falbh an t-sneachda agus gach cosgais eile a bha na lorg.

Tha timeanan gle fhad air ais 'na bhaile so. Tha moran na'n tamh ann a' feitheamh cosnadh; 's ged nach eil Bailidh no Ceann-suidhe 'nuair a bhithear 'gan cur 'san dreuchd nach bi 'g radh gu'n tig timeanan nis fhèrr r'a linn-san, mur eil timeannan a dol ni's miosa cha'n eil iad idir ni's fhèrr, agus cha léir dhomhsa cionnas a theid iad ni's fhèrr, a chionn gu bheil tuilleadh mor 'sa choir de luchd-obrach ann airson na bhithear a cur air adhart. Tha moran sluaigh air teachd do na Staitean á dùthchannan eile, agus tha a roinn fein aig Boston dhiu. Tha moran ann á Canada, á Nobha Scotia, a Ceap Breatunn, 's á Eilean a' Phrionnsa. Ach air a gheamhradh so tha moran dhiu nan tamh, agus cha'n eil teagamh agam nach biodh gu leòr dhiu ni b' fhèrr dheth air a cheann mu dheireadh na'm biodh

iad air fuireach aig an tigh. Tha mi fhein air aon an dùil, ged a dh' fhad mi Ceap Breatunn bho chionn fhada, gur h-ann na h-ùir a theid mo chàradh, agus a' gealltuinn sgrìobhadh thugad an ùine gun a bhi fada a rithist, bithidh mi 'stad.

CEAP BREATUNN.

<eng>Feb. 14, '98.<gai>

Tha chùirt a bha dol air adhart ann am <eng>Paris<gai> air a toirt gu crìch, agus tha <eng>Emile Zola<gai> air fhaotainn ciontach. A reir dòighean dhùthchannan eile, cha d'fhuair <eng>Zola<gai> ceartas idir. Bha moran fhianuisean air an gairm nach toireadh fianuis idir, bha am breitheamh 'na aghaich cuideachd. Fhuair e bliadhna prìosain, agus chaidh càin trì mìle <eng>franc<gai> a chur air.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston, Mass.<gai>

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 278]

[Vol. 6. No. 35. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 275.)

Nam faicinn coltas an tinneis bu lugha tighinn air mo mhnaoi, bha mi 'dol air chrith leis an eagal. Ach mo thruaighe! fhuair mi aobhar eagail ann an uine ghoirid; oir dh' fhas mo bhean gle thinn, agus ann am beagan laithean dh' eug i.

Faodaidh sibh a thuigsinn gu 'n robh mi gle mhuladach; oir bha mi 'smaointean gu 'm bu cho mach dhomh a bhith air m' itheadh leis na daoine fiadhaich ri bhith air mo thiodhlacadh beo. Ach b' fheudar dhomh striochdadh.

Thainig an righ, uaislean na cùirte, agus ard-mhaithean na rioghachd a dh' ionnsuidh an tiodhlacaidh; agus bha moran de shluagh a' bhaile ann mar an ceudna. An uair a bha gach ni deas, chuireadh corp na mna ann an ciste fhosgailte an deigh dhaibh chomhdachadh leis an trusgan a b' fhearr a bh' aice, agus leis na seudan bu luachmhoire a bhuineadh dhi. Dh' fhalbh an comhlan, agus bha mise coiseachd an deigh a chuirp agus mi 'caoidh gu trom 's a' sileadh dheur gu frasach.

An uair a rainig sinn mulach na beinne dh' fheuch mi impidh a chur air na daoine gus mo leigeadh as. Bhruidhinn mi an toiseach ris an righ, agus 'na dheigh sin ris na daoine eile a bha mu'n cuairt orm. Leig mi mi-fhein 'n am shineadh air an talamh aig an casan, agus ghuidh mi orra gu durachdach truas a ghabhail dhìom, "Thugaibh fa

near,” arsa mise, “gur coigreach mi, agus nach bu choir gu’m bithinn air mo chur fo ’n lagh chruaidh so. Agus a bharrachd air sin, tha bean is clann agam ’nam dhuthaich fhein,”

Ach cha robh feum sam bith dhomh a bhith bruidhinn riutha. Cha robh truas sam bith aca rium. An aite sin is ann a bha cabhag orra a’ leigeadh sios corp mo mhna do ’n t-sloc. Ghrad chuir iad mise ann an ciste fhosgailte, agus an uair a chuir iad soitheach uisge agus seachd arain anns a chiste comhladh rium, leig iad sios do ’n t-sloc mi, agus chuir iad a’ chlach air a bheul, a dh’ aindeoin na bha mi deanamh de chaoidh ’s de bhron ’s de ghlaodhaich.

An uair a rainig mi grund an t-sluic, thug mi ’n aire, le cuideachadh beagan soluis a bha tighinn orm o tholl beag a bha as mo chionn, gu’n robh e mu leith cheud aitheamh air doimhneachd. Anns a mhionaid dh’ fhairich mi faileadh breun a bha ’n impis mo thachdadh, Bha ’m faileadh so ag éirigh as na cuirp mharbha a bha mu’n cuairt orm. Air leam gu’n robh mi ’cluinntinn cuid dhiubh ag osnaich, agus a tilgeadh na h-analach. Ach air a shon sin, cha bu luaithe ’rainig mi sios na ghrad dh’ fhalbh mi as a’ chiste ’s mo lamh mu m’ shroin; agus an uair a choisich mi astar beag o ’n aite ’s an robh na cuirp, leig mi mi-fhein nam shineadh, agus bha mi uine fhad’ ann a’ gul ’s a caoidh gu goirt.

An uair a bha mi greis a’ smaointean air cho truagh ’s a bha mo chor, thuir mi:—“Tha e fìor gu ’m bheil Dia a riaghladh gach ni a reir orduighean a fhreasdail; ach thusa, ’Shindbaid thruaigh, nach ann agad fhein a bha ’choire gu’n d’ thainig tu gu bhith ’faighinn a’ bhais anns an doigh iongantach so? B’ fhearr gu ’n robh thu air bas fhaotainn ann an aon dhe na cunnairt anns an robh thu! Cha bhiodh do bhas cho fadalach ’s cho uamhasach’s a tha e nis air thuar a bhith. Ach thug thu so ort fhein leis an t-sannt mhollaichte a bha annad. Ah! a chreutair thruaigh, mhifhortanaich, nach b’ fhearr dhut gu mor a bhith air fuireach aig an taigh, agus a bhith gu socair, samhach, a’ mealtuinn toradh do shaoithreach?”

So na gearainnean gun fheum leis an cluinnteadh mo ghuth o thaobh gu taobh dhe ’n uaimhe. Bha mi ’bualadh mo chinn is m’ uchd gun stad ’s mi ann an corruich ’s an eu-dochas ro mhor, agus thug mi mi fhein suas gu buileach do smaointean bronach.

Ach air a shon sin gu leir, feumaidh mi innseadh dhuibh, an aite bhith toileach am bas fhaotainn anns an t-suidheachadh thruagh ’s an robh mi, gu ’m b’e mo mhiann a bhith beo, agus gach ni ’nam chomas a dheanamh a chum fad a chur ri m’ laithean. Bha mi ’g ealadh air mo shocair ’s mo lamh ri m’ shroin feuch am faighinn an t-aran agus an t-uisge a chuireadh anns a’ chiste dhomh. Agus an uair a fhuair mi e dh’ ith mi rud dheth. Ged a bha ’n uaigh dubh, dorcha, bha mi ’n comhnuidh ag amas air a’ chiste. Agus thuig mi gu ’n robh an uaigh gu math na b’ fharsuinne na bha mi ’n toiseach an duil. Chum an t-aran t-uisge beo mi fad beagan laithean. An uair a theirig iad, shaoil mi nach romham ach am bas.

(Ri leantuinn.)

Mu 'n Luing-imrich "Polly," 1803.

O'N BHEURLA, LE S. A. MAC ILLE-MHAOIL.

(Air a leantuinn.)

Thoisich e 'n sin air a bhi am measg an luchd-turuis gu math tric, agus gu sonruichte aig am an aoraidh a bha aig an am so a fas ni bu bhitheanta 's ni bu deine. Bha e gabhail air truas mor a bhi aige riutha air son gainnead an teachd-an-tir, agus bhiodh e toirt misneach dhoibh gu'm biodh cùisean ni b' fhearr 'nuair a gheibheadh iad far an turuis. Chuir e mar so as an aire moran de 'n droch run a bha aca dha bho'n uair a chaidh an soitheach anns an deigh, agus 'nuair a fhuair e mar so gu'n robh a choltas air a bhith ann an seasamh rudeigin ni b' fhearr a measg an t-sluaigh, thoisich e air a bhi leughadh Lagh nan Eillthireach dhoibh ann am Beurla, 's ga eadar-theangachadh gu Gailig. Agus mar so chuir e mar fhiachaibh orra gur ann air son buanachd dha fein a bha 'n caiptean a deanamh so uile, agus gu'n robh e calg-dhireach an aghaidh an lagha, agus mar sin thog e buaireas nam measg-b'e 'n caiptean a nis an t-aobhar an earbsa agus amharuis a bh' aca, agus 'sann a fhuair am fear-ionaid tàir mhor a nis gus na Gàidheil àrdanach a chumail gun cheannairc a thogail. Air eagal gu'm biodh cùisean a fàs cudthromach 'sann a chomharlaich e teachdairean a chur a dh' ionnsuidh a chaiptean air son an t-aobhar ghearain ath-leaschadh. Dh' fheuchadh ris an Dotair fiach an deanadh e cuideachadh ann an deanamh suas an tagraidh, ach dhiùlt esan lamh sam bith a chur anns a chùis. Chaidh paipear a tharuinn suas mar a bhiodh anns na seana chùirtean Gaidhealach-paipear anns an robh iomadh facal snasmhor a tha nise a dol a cleachdadh, le moran de fhacail Laidinn air a fileadh a stigh ann. 'Se am fear-ionaid fein agus seana mhaighstir-sgoile-a bha aon uair a cumail sgoile ann an aon de pharaisdean Ghalloway ach a nis a smaointich gu'm fiachadh e 'fhortan le 'charaid Alasdair ann an <eng>America<gai>-a sgrìobh am paipear. Chuir am maighistir-sgoile an Laidionn ann, agus chuir Alasdair na gearainn ann. Bha 'n dearbhadh-sgrìobhaidh mor 'nuair a bha e ullamh-thug an dithis da latha agus oidhche ris, agus is iomadh argumaid a bha aca 'ga chur an òrdugh agus a cur nam facal Laidinn 'nan àite fhein. B'e an ath cheist, an deigh am paipear a shealltuinn do'n luchd-turais agus ainmean nan daoine a bu cheannsgallaiche dhiubh fhaotainn ris, co a rachadh mar theachdairean leis. Bha 'm fear-ionaid an toiseach air a shonrachadh, agus bha 'n sin am maighstir-sgoile air ainmeachadh, ach dh' eirich an sin comhstrith co dhiu 'se aon de na h-eildeiren no Eachann Caimbeul am piobaire (oir bha am fear so a tagairt càirdeas air MacCallum Mor) a rachadh ann; 's mar sin smaoinich iad gur esan bu fhreagarraiche. Dh' aontaich Eachann a dhol ann air chùmhnannt gu'm feudadh e a phìob a thoirt leis agus <eng>"The Campbells are coming,"<gai> a chluich air a mhairds do'n t seomar-luinge, ach cha cheadaicheadh iad so idir, agus 'se bh' ann gu'm b' eigin do Eachann dol ann mar neach coitcheann eile de'n luchd-tuauis.

Ach fhuair an sgiobair sanais air choireigin air a chùis-dochoa gur ann bho 'n Dotair, agus ghabh e riu gu suairce. Bha 'n sgrìobhadh air a leughadh leis a mhaighstir-sgoile, agus bha na laghanaibh air am mineachadh le Alasdair. Cha'n eil e coltach gu'n do chuir Eachann e fhein gu mor am fiachibh aig an àm, oir b'e ceòl bu roghnaiche leis agus 'o nach leisgte leis a phiob a thoirt leis cha robh feum sam bith ann. Cha robh aige ach beagan Beurla agus ni bu lugha de Laidinn, agus bho nach robh Gailig no ceòl a dhith orra anns an t-seomar-luinge aig an àm so cha d' rinn e ach seasamh a leth-taobh agus leigeadh le 'cho-theachdairean, aig an robh am barrachd foghlum, a chùis a chur an céill. An uair a chrìochnaich na teachdairean aobhar an turuis, gheall an caiptean gu'n deanadh a ath-leasachadh cho luath 'sa gheibheadh e 'n soitheach as an deigh, ach gu sìobhalta agus gu daingean dhiùlt e na diotan a mhead-

[TD 279]

[Vol. 6. No. 35. p. 7]

achadh. Bha ni-eigin mu thimchioll a chaiptein agus na ghluasad a thug air an fhear-ionaid a smaoinichadh gun a bhagraidhean a chur air adhart tuilleadh is fada, agus ghabh e mu chùl a ghnòthuich gu sìobhalt, agus mar gu'm b'eadh lan thoilichte. Chomhairlich na h-eildeirean foighidin agus ùmhlachd do'n àrd chommandair, agus an ùine ghoirid bha nithean eile aig an luchd-turuis ri smaoinichadh air. An ath latha an deigh na teachdaireachd a dh' ainmich thoisich an speur ri fàs gruamach, 's thainig an soirbheas beagan ris an airde deas agus gu goirid thionndaihh i ris an airde tuath, agus gu ath-ghoirid dh'eirich i gu doinionn. Na beanntan deighe a bha gus a so gun moran gluasaid thoisich iad ri togail an cinn, a cumail tim ri onfhath na fairge-an deigh chòmhnard anns an robh an long air a ceangal thoisich i ri bristeadh 's ri bleith mu chliathaichean an t-soithich, a cur coltas air gu'm pronnadh i ri cheile i air neo gu'n tigeadh i air bòrd 'ga cur fodha do grunn a chuain. B'i oidhche an uamhais i, anns an robh an caiptean, an sgioba, air an aon chàradh. Anns a mhaduinn sgaoil na raointean deighe a bha an toiseach mar gu fasgadh a chumail orra agus an sin ghabh cudthrom na doinionn air an luing 'ga laidhe sìos gus an robh an taobh leis aice fo'n uisge, gus an robh an obair-ard 's na bàtaichean air an sguabadh air falbh, agus an fhairge a tilgeadh cnapan mor deighe glan thairis orra. Cia mar a shàbhail i air an oidhche uamhasaich sin bha e 'na aobhar ioghnaidh do neach sam bith aig am biodh dad de thùr m'an ghnòthuch, ach thuig iad uile gu feumadh gur e làmh an Fhreasdail bheannaichte a chumhain iad uile gu léir.

Dhichuimhnicheadh gach lagh Laidinn agus gainne bidhidh, ach dh' earb na h-eildeirean iad fein mar Chrìosduidhean cruadalach. Chaidh iad air feadh an t-sluaigh a toirt na h-uile comhurtachd a b' urrainn iad dhoibh, agus cha do dhiobair am fear-ionaid, am maighistir-sgoile, no 'm piobaire fein, rag-mhuinealach, féineil, 's mar a bha iad, anns an àm shòluimte agus dhiachuinneach ud, gun aire urramach a thabhairt d' an comhairlean treimhdhireach. An deigh oidhche 's

latha thoisich am pronnadh uamhasach a bha ri cliathach na luinge air fas na bu shiochaile, agus uidh air uidh thainig i gu clos; bhàsaich an soirbheas, a tionndadh ris an iar-dheas, ach bha an fhairge fathast air ghluasad. 'Nuair a thainig an luchd-turuis air clar-uachdar na luinge cha robh crioman dhe'n deigh an àite sam bith r'a fhaicinn, ach gu'm faiceadh iad an coltas neoil iseil, chianail ud a bha 'n toiseach ri fhaicinn anns an àirde 'near, anis fad air fuaradh orra 'san iar-dheas. Mar a bha 'n latha 'tighinn air adhart agus a chaidh sealltuinn thairis an t-soitheach, chunnacas nach robh dochunn sam bith oirre, agus ged a bha na taobhannan aice air an sgriabadh agus an clar-uachdair a taisbeanadh coltas long-bhristeadh, gidheadh cha d' rinn e dad a dh' uisge.

Bha 'n saor agus a luchd-cuideachaidh, na seòladairean, agus a mheud 'sa b' urrainn obair a dheanamh de'n luchd-turuis gu trang a leasachadh an dochainn a dh' fhuiling i leis an stoirm. Bha pailteas de threallaich aca anns an toll a fhuair a thoirt air a chlar-uachdair. Bha 'm "Polly" a sealltuinn cho maith 's a bha i roimhe, an deigh na h-uile droch-uisneachadh a fhuair i. Rinn an stiubhard a chur an céill an staid anns an robh an teachd-an-tir laitheil a bha fo laimh-san, agus 'nuair a chual' an caiptean mar a bha 'chùis smaointich e gu'n robh a chùis gu ro mhaith, agus 'nuair a chuir e 'chomhairle ris na h-oifigich, ris an fhear-ionaid, agus ris na h eildeirean, rùnaich e gu'n leanadh e air a thurus. Bha am fear-ionaid, mar a b' àbhaist da, a' gearain 's a mi-chòrdadh ris gach aon do chàch, agus a' cumail roimhe gu'm b'e an t-aon cheum sàbhailte dhoibh tilleadh air ais do dh' Albainn-bha e sgith dhe 'n mhuir, agus bha eagall air gu'm biodh an turus tuilleadh is fada agus nach robh moran coltais gu'n rachadh am biadh-turuis a mheudachadh-agus bha fios aige mar an ceudna gu'n eireadh monamhar am measg an luchd-turuis, agus gu'n cuireadh iad a choire air fein airson na h-uile ni, agus cha robh an t-eagal a bh' air gun aobhar. Cha robh an soitheach ach gann fo làn uidheam agus an luchd-turuis air fàs gu maith bho'n tinneas a dh' aobharraich an stoirm dhoibh, 'nuair a thoisich an gearain 's am monabhar a rithist air gach taobh. Bha am fear-ionaid a rithist air a choireachadh air son tir an dùchais fhàgail gus an cur gu bàs le gort air an turus, no gus am bàthadh air a chuan. Chaidh an darna teachdaireachd a chur do'n t-seomar-luinge leis na ceart fheadhainn a bh' ann roimhe, ach air an turus so cha robh urad de Laidinn air a cleachdadh 's a bh' anns a cheud litir-ghearain, agus b' e am fear-ionaid am prìomh fhear labhairt. An deigh an teachdaireachd a chur an céill, bha facail àrd eadar e fhein 's an caiptean. Thug Alasdair cainnt dhùbhlanach agus thàmailteach dha an clàr an aodainn.. Gun ag thugadh buaidh air a chaipitean anns an argumaid; ach chuir e roimhe gu'n seasadh e 'na làn ùghdarras féin. Ghlaodh e air a mheat, a thainig le paidhear de ghlasan-lamh, agus chàraich e air na dùirn aig Alasdair iad. Ach cha b' ann gun spàirn Theann am piobaire ri leithsgeul Alasdair a ghabhail, agus thoisich e air an leagadh air gach sliabh anns an t-seann dòigh Ghaidhealaich. Dh' eubh an caiptean, air fear no dithis dhe 'n sgioba, 's thug iad sin a chùis gu striochdadh. Bha 'm fear-ionaid an sin air a thoirt do'n t-seomar bheag aige féin, agus chaidh a lamhan 's a chasan a chur ann an iarunn. Dh' fhàg iad anns an t-suidheachadh sin e gu bhi smaoinich air a ghiùlan, air aran

agus uisge. Ach an àite a bhi a foghlum gliocais bho na dh' fhiosraich e, agus gu'm bu chòir dha ùmhlachd a thoirt do dh' ùghdarras, 's ann a bha e 'smaoineachadh air an ana-cothrom a fhuair e, agus ciod an deigh am b' urrainn e dioghaltas a dheanamh-ni a rinn e na àm féin. A thaobh eadarmheadhonaireachd nan eildeirean agus gu'n robh e féin air tighinn gu siobhaltachd mur brosnuicheadh muinntir eile e, fhuair am piobaire cead a dhol da àite féin am measg an luchd-turuis, agus cha do chuir e tuilleadh dragh orra.

Bha an long a nis a falbh gu sùrdail air a slighe agus bha tomhas de thoilinntinn am measg an luchd-turuis, ach cha b' fhada gus an d' thainig aobhar smuairein eile anns an t-sealladh, le te de shoithichean an Rìgh a bha air a suidheachadh ann an <eng>America<gai> Tuath. Anns an àm a bh' an sin bha e na ni cumanta gu'm feudadh soitheach-cogaidh, air am biodh daoine 'dhith, daoine a thoirt leo á soitheach Breatunnach no Americanach sam bith a thachradh riu. Mar sin air maduinn àraidh dhùisgeadh luchd-turuis a' "Pholly" le urchair gunna-mhoir tarsuinn air an toiseach, ag iarraidh orra tilgeadh suas. Bha 'n caiptean air oillteachadh gu'n cailleadh e an sgioba, agus rinn e na h-uile dichìoll a b' urrainn da airson cumail as an rathad air an t-soitheach a thainig am fradharc 'sa mhaduinn agus a bha gu dian a leantuinn a chùrsa.

(Ri leantuinn.)

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

THA EARBASA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited.
Hull, Canada.<gai>

[TD 280]

[Vol. 6. No. 35. p. 8]

Laoidh.

Feuch aig in dorus coigreach sgith!
Bhuail e ga sèimh a ris 's a ris;
Caraid le gnùis mar aon ri caoidh,
'S a chiabhan fliuch le dealt na h-oidhch'.

Ach caraid an e th' ann gun bhréig?
An t-aon a mhàin a ni dhuit féum;
An duine sin d' an goirear Ios',
De 'éideadh dearg o Chalbhari.

O àilleagan gach linn is àil,
Le lamhan sgaoilt' is cridhe blàth;
O gràdh gun smal a thug ann buaidh,
'S an gràdh sin nochdte d' a luchd-fuath!

Grad fhosgail da, oir fear a ghaoil,
Cuid oidhche riamh cha d' iarr a dhaoin';
Cha mhò is léir do dhaoin' an tràths',
An sògh-san leis a bheil e 'tàmh.

Grad fhosgail dà mu 'n éirich 'fhearg,
'S mu'm falbh e uait na 'chorruich dheirg;
Grad fhosgail dà no 'n ùine gheàrr,
Na 'làthair seasaidh tu le nàir.

A Rìgh nan Dùl, a Phrionns' na Sìth,
Do rioghachd thigeadh anns gach tìr;
Fosglaidh an dorus dà gach aon,
'S fo bhrataich gabhsa, chinne-dhaonn'.

Do Ghaidheil Dhargai.

AIR FONN:—"Tha mo bhreacan-sa fo 'n dile."

Seinneam cliù nan Gaidheal mhillant
Thall 's na h-Innsean 'strìth a thà iad;
Seinneam cliù nan Gaidheil mhillant.

Seinneam cliù nan Gaidheil chruaidh
A fhuair a bhuaidh air mullach Dhargai.
Seinneam cliu, &c.

Seinneam cliu nan gilleam uallach,
Da 'm bu dual na h-osain gheàrra.

Cha 'n eil cearn air feadh an t-saoghail
Gun am biuthas 's dùrachd bhlàth dhaibh;

Mar a shreap iad bearraidh aognaidh,
Far na gheill gach aon d' an nàmhaid,

A dh' fhas ladarn' air an dùnadh
Air gach taobh le daighneach nàdair.

Ach gun ghairm bha 'n "Coileach Tuathach,"
Gun tigh'nn suas riu luchd na Gàilig.

"Feumaidh sinn an t-àite bhuannachd
Ged is duaichnidh, cruaidh an càs e;

Co 'nar feachd d' an dian e aomadh?"
"Luchd nam fraoch-bheann!" ghlaodh an t-armunn.

Suas nan deannamh bha na treun fhir,
Chaidh air sgeith na frasaibh bàsmhor,

Tighinn bho'n naimhdean, triùir m'an aon diu,
Guineach, lùbach, 'n cùiltean làidir.

'S iomadh gaisgeach treun 's an ionnsuidh
Bh' anns an tiùir [?]nnt am bàs ann.

Ach gun mheatadh bha na Tuathaich
Dh' aindeoin bhruach 'us luaidir an nàisean.

Suas air adhart gun robh stuadh ud,
Gus 'n do sguab i leatha 'namhaid.

Fhad 's bhios eachdraidh air a h-innse
Gu 'm bi 'm piobair' anns an àireamh;

Mar a sheinn e 'n deis a chiùrradh,
Air a ghlùin ri taic 's an araich.

Ged a rinn a cholunn strìochdadh
Chum a spiorad lionte 'm màla.

Mar a mhol an t-euchd an aaoghal
Fhuair e cliù 'us Crois na Bànrigh'nn.

Chaidh cha 'n atharraich na fiùrain
Fhuair 's na fraoch-bheannaibh an àrach.

'N àm an fheum an spiorad dùisgidh
Ge b'e àit am faod iad tàmhachd.

Chaidh cha 'n atharraich gu dilunn
Fhad 's a bhruidhneas iad a Ghàilig.

Seinneam cliù nan Gàidheal mhilant,
Thall 's na h-Innsean 'strìth a thà iad
Seinneam cliù nan Gàidheal mhilant.

FHIR-DEASACHAIDH:—Ma shaoileas sibh gur fhiach an t-òran so a chur

an clò, tha fhios agam gu'n dean sibh sin. Chaidh gu leòr a sgrìobhadh 'sa Bheurla mu Ghaidheil Dhargai, agus co dha bu chòire 'bhi air thoiseach air an co-bhràithrean 's an luchd-dùthcha a' luaidh an euchd. Cha'n eil teagamh nach do rinn cuid sin (ged nach fhaca mise e) a b' fhearr a thagradh an cùis na ur caraid,

SEUMAS N. MACFHOINGHAIN.

<eng>Moosomin, N. W. T., <gai> 11 Feb. '98.

An Gaidheal am measg nan Gall.

LEIS A' BHARD MAC GILLEAIN.

Och! a rùin gur tu th' air m' aire—
Och! a ghaoil gur tu th' air m' aire:
'S tusa 'rùin, 's gur tu th' air m' aire,
'S gur h-i mo dhu'aich dha tigh'nn fainear dhomh.

Cha togar fonn leam ach trom air m' aineoil,
Cha dean mi òran 's an dòigh bu mhath leam:
Gur mi bha gòrach 'nuair thug mi 'n gealladh
Do'n nionaig òig a bha chòmhnaidh 'n Cana.
Och! a rùin, &c.

Gur h-ann le h-ailgheas a dh' fhàg mi 'm fearann
'S an deachaidh m' àrach 'n uair bha mi 'm leanabh;
'S mi 'n dùil gu'n deanainn am bliadhna 'dh'earras
Na cheann'chaidh lion dhomh gu iasgach earraich,

Gur mi bha stàtail 'n uair dh' fhàg mi Ailean,
Ri togail gàraidh 's a' caradh bheallach;
Gu'm b' fhearr bhi ann air neo 's meàlta 'bharail,
Na bhi 's an àm ann an taing na'n Gallaibh,

Cha ghabhainn tuarasdal uaith mar sgallaig,
Ach tigh'nn do'n Ghalltachd a shealltainn chaileag;
'S 'n uair ni gach te dhiubh a'm Beurla m' fharraid,
Their mis' an Gàilig gu'n d' fhàg mi <eng>Barra<gai>.

Cha 'n 'eil e 'còrdadh rium seòl a h-arain—
Bhi 'falbh Di-dòmhuich 's a' giùlan eallaich;
'S nach faigh mi fàrdach, na àit' am fanain,
Ach sabhal fàs, air-neo stàbull ghearran.

'N uair ni sinn gluasad Di-luain do 'n bhaile,
Bidh bodaich Ghàlld' ann an geall ar mealladh;
Cha tuig mi'n nàdur le 'n cànan Ghallaich—
Tha mise dàll 's gun an cainnt am theangaidh.

Thoir soraidh uam-sa thar chuan' gu m' leannan,
A's innsibh fein di gu bheil mi fallain—
Gu bheil mi 'n tràs' ann an <eng>Calder parish,<gai>
'S gu'n deach' a' Ghailig á àite seallaidh.

Is tu 'Chatriona, tha tigh'nn air m' aire-
Cha 'n e do stòras a rinn mo mhealladh;
Ach thu bhi bòidheach, gun bhòsd, gun bharrachd,
Do'n fhine mhor o Mhac Leòid na Hearadh.

Dr. G T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI, - - - C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid and chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus
FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?
Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

[TD 281]

[Vol. 6. No. 36. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE 4 MART. 1898. No. 36.

<eng>AFRICA.<gai>

Thubhairt mi moran cheana mu dheibhinn na h-Eiphit agus an eachdruidh a tha aice thar iomadh linn 'us bliadhna. Bha 'n Chedibhe-seanair an uachdaran a tha nis 'na dhuine mor anns an Eiphit-struidheil, proiseil, lan de fein agus de mhorachd. Bha comas aige air moran airgid fhaotainn bho na daoine beartach anns an Roinn-Eorpa. Thog e luchairtean mora, statail, agus rinn e oibrichean feumail air feadh na h-Eiphit. Cha robh tuaiream no gliocas air bith aige; agus air an aobhar so, chaidh e air aghaidh le inntinn amaideach, gus fa-dheoidh, o'n nach robh e 'paigheadh ni air bith airson an airgid a fhuair e bho dhaoine beartach anns an Roinn-Eorpa, ghabh rioghachdan na Roinn-Eorpa orra fein stad a chur air amaideachd a' Chedibhe, agus sealbh a ghabhail ann air cisean na h-Eiphit, agus mar so tearuinteachd fhaotuinn do na daoine 'thug an airgid do 'n Chedibhe, agus aig an robh amharus bronach nach robh e 'n a bheachd gu brath an t-airgid a phaigheadh air ais. Ann am beagan uine chuir Comhairle nan rioghachdan anns an Roinn-Eorpa an Chedibhe so as an duthaich agus bho 'n uachdaranachd a bha aige anns an Eiphit, ged a rinn e buil thruagh agus amaideach dheth. Chaidh a mhac 'na aite, duine glic, modhail, teoma, a ghabhadh comhairle bho dhaoine tuaireamach, glic, caoimhneil. Cha robh e mo thruaighe! 'na dhuine fuasach laidir. Fhuair Arabi, ceannard anns an airm, cumhachd uamhasach anns an Eiphit. Faodaidh daoine 'bhi saoil sinn gur e Arabi 'bha 'nis 'na Chedibhe anns an tir, agus nach robh Chedibhe air bith eile idir ann. Chunnaic Comhairle na Roinn-Eorpa 'bha 's an Eiphit, gu tigeadh crìoch ann an uine ghearr air gach ceartas, 'us lagh, 'us onoir, 'us tearuinteachd anns an Eiphit, nam faigheadh Arabi, an t-Arabianach seolta, breugach, uaibhreach, a dhoigh fein. Chuir iad an cinn ri cheile, 'us rinn na Breatunnaich agus an Fhraing cordadh 'n am measg fein, gu cuireadh iad sios le faobhar a' chlaidheamh, ughdarras aingidh, chunnartach, Arabi. Bha longan-cogaidh Bhreatuinn 'us na Frainge le cheile ann am port Alecsandria, ullamh airson am baile mor so 'liobhairt as lamhan Arabi, le gunnachan mora 'chabhlaich. An uair a bha na longan-cogaidh deas airson cumhachd mhosach Arabi 'chur air falbh, thainig fios bho Grevi,-ceann-suidhe nam Frangach-duine lag, bochd, gu feumadh cabhlach na Frainge bagh Alecsandria fhagail. Dh' fhag longan na Frainge mar a fhuair iad ordugh. Sheas longan-cogaidh Bhreatuinn an aite, gu duineil, durachdach. Dh' fhosgail iad an gunnachan mora, agus thug iad buaidh

air Alecsandria, agus chuir iad an namhaid mosach as. Ann an uine ghearr chaidh feachd Breatunnach ann an uidheam, le ceannardan glic, gaisgeil, neo-sgathach air an ceann. Bha fhios aca c'àite 'n robh Arabi le 'fheachd fein, agus cia co laidir 's a bha e leis gach daighneach, 'us claise, 's turraid, 'us balla 'chur e an ordugh airson e fein a dhion bho gach feachd 'us namhaid. Chaidh am feachd Breatunnach thar moran astair fo dhorchadas na h-oidhche, gus an d' ruig iad <eng>Tel-el-Chebir<gai>, ann am bristeadh na faire. Theoruich seoladair Breatunnach, a bha min-eolach air an t-slighe, am feachd Breatunnach fo sholus nan reultan gu <eng>Tel-el-Chebir<gai>. Mo thruaighe! thainig peilear bho 'n namhaid a mharbh an ceann-iuil gaisgeach so, agus 'nuair a bha e 'tabhairt suas an deo,-an laoch gasda tapaidh,-thubhairt e ri ceannard mor an fheachd: "Nach do threoraich mi sibh gu dileas, ceart, gun mhearachd." Ann an uine ghearr fhuair na Breatunnaich buaidh air Arabi 's air aramach aig <eng>Tel-el-Chebir<gai>; agus is maith agus is ro-mhaith a ghleachd na saighdearan Gaidhealach, am Freacadan Dubh am measg chach. Theich an trusdar Arabi gu Cairo. Lean eachruidh Bhreatuinn e, 's fhuair iad greim air anns a bhaile mhor ud. Chaidh 'chur 'na fhogarrach do 'n eilean a tha air taobh mu dheas <eng>India<gai>-Ceilon,-far am bi e gus an tig crìoch air laithean an duine aingidh, mhillteach. Dh' fhadadh mar so an Eiphit ann an lamhan nan Breatunnach gu h-iomlan. Nochd na Frangaich gur e daoine suarach, bochd a bha annta. Le gairdean laidir, ghabh Breatunn uallach na h-Eiphit orra fein. Thoisich i air ball air ceartas, 'us ordugh, 'us tearuinteachd a nochdadh agus a thabhairt do na h-Eiphitich bhochda, 'bha anns an duslach leis gach eucoir 'us cruadal a bha aca ri fhuiling re iomadh linn 'us riaghladh. Is e 'm Morair Croman a tha bho cheann iomadh bliadhna 'riaghladh na h-Eiphit ann an ainm 'us le cumhachd Bhreatuinn; agus da rìreadh is glic, is tapaidh, is seolta, 's is duineil, a tha e 'riaghladh cuisean us soirbheachadh na na h-Eiphit gu leir. Is e amadan bochd, gun toinìs, gun tapadh, a tha 'na uachdaran aig an àm so air an Eiphit. Tha Croman a' gleidheadh a' bhalaich fhaoin so, ann an ordugh gasda. Dh' innis Croman dha, uair no dha, mur tabhair e 'n aire mhaith dha fein, gu feum e 'n Eiphit fhagail, agus sgarbh a chladhaich as creig dha fein ann tir eile. Thainig an Eiphit air a h-aghaidh gu maith, gu ro-mhaith, gu h-anabarrach maith, o'n thoisich riaghladh Bhreatuinn innte. Tha 'n Fhraing ag eigheach a mach gun tamh, gu feum Breatunn an Eiphit fhagail. Gu de rinn an Fhraing le claudhaireachd narach airson na h-Eiphit? Tha i 'nis a' cumail na duthcha air a h-ais le naimhdeas diblidh, bochd. Tha Breatunn a' deanamh moran maith da rìreadh, do 'n Eiphit, agus do na h-Eiphitich thruagha, air chor 's gu bheil dochas laidir aig iomadh, iomadh neach, nach treig Breatunn an Eiphit gu brath an t-saoghail.

CONA.

Litir bho'n Ghaidhealtachd.

FHIR-DEASACHAIDH IONMHUINN:--Tha mi dìreach a' cur nam beagan sreath seo chugaibh a ghuidhe Bliadhna Mhath Ur dhuibh, agus an dòchas gu'm faic MAC TALLA moran dhiubh.

Tha 'n t-side gle bhlàth againn fad a' gheamhraidh seo, agus cha d' fhuair sinn ach aon fhras sneachd uile gu leir fhathast san àite seo, agus cha do mhair sin ach beagan laithean gus an d' thainig an aiteamh.

Tha na h-uidhean ag reic an so a nis air 11d. an dusan, agus tha 'n t-im 1s. 2d. am punnd. Tha uamhas buntàta a falbh cha mhor a h-uile là leis an rathad iarunn bho'n Taobh Tuath gu Glascho, agus bho 'n tha e cho daor 'gan cur cho fada, feumaidh gu 'm bi a phris gle àrd an ùine ghoirid anns na bailtibh mora.

Bithidh sibh a gabhail iongantais gu'n do sgrìobh mi gun naigheachdan a bhith agam, ach tha e ni's fhearr a bhith gun naigheachd na droch naigheachd a bhith agam.

Bha mi gle thoilichte a dh' fhaicinn dealbh a Ghaidheil bhig 'nur paipear,' agus bithidh mi a sealltainn a mach airson tuilleadh dhe'n leithid a rithist.

CREAG AN FHITHICH.

Achadh nan Craobh, Lentrán, Albainn, Februaireidh 9, 1898.

Bha teine ann an Charlestown, an Carolina a Deas, Di-satharna s'a chaidh, agus chaidh naodhnar a losgadh gu bàs.

[TD 282]

[Vol. 6. No. 36. p. 2]

Mu 'n Luing-imrich "Polly," 1803.

O'N BHEURLA, LE S. A. MAC ILLE-MHAOIL

(Air a leantuinn.)

An uine ghoirid rug an soitheach cogaidh air, agus ann an cainnt gun mhearachd thuirteadh ris gu'm feumadh e stad ar neo gu'm faigheadh e urchair a dheanadh dollaidh da 'shoitheach-agus b' fheudar striochdadh. Chuir e 'chomhairle ris an Dotair agus ris na h-eildeirean cìod a b' fhearr a dheanamh, agus 'se thuirt an Dotair gu'm b' fhearr innleachd mheallaidh a dheanamh orra. Chomharlich e do'n chaiptean an sgioba chumail am falach cho maith 's a b' urrainn e, agus gu'n abradh esan riu gu'n robh fiabhras-luinge air bristeadh a mach am measg an luchd-turuis, agus gu'n robh e fìor ghabhaltach agus bàsmhor. Bha 'n t-innleachd so 'sa mhionaid air a ghiùlan amach, agus 'nuair a thainig bàta an t-soithich-chogaidh ri taobh a "Pholly," bha fìor choltas tigh-eiridinn air flod oirre. 'Nuair a thainig an t-oifigeach air bòrd choinnich an caiptean e air mhodh iriseal agus umhail, agus an deigh fheorach carson nach do thilg e suas 'nuair a chaidh ordachadh dha, fhreagair e gu'n robh e 'n impis a bhi 'na bhoil, 's nach robh fios aige gu de bha e deanamh. Thainig

an Dotair a nuas agus dh' innis e do'n chaiptean gu'n do bhàsaich neach eile de'n luchd-turuis, agus gu'n robh eagal mor air gu 'm bàsaicheadh tuilleadh mor dhiu. 'Nuair a chual' oifigeach na luing-chogaidh so, thuirt e ris a chaiptean gu'n robh seoladairean a dhith air air son na luinge-chogaidh, ach gu'n tilleadh e an dràs a dh' innseadh d' an cheannard staid na cuideachd anns a' "Pholly."

Thaitinn so ro mhaith ris a chaiptean, agus chuir e air falbh aon de'n sgioba a bha air a bhi ann an gainntear air son eas-umhlachd comhladh ris an oifigeach. Dh' fhalbh an t-oifigeach, 's 'nuair a rainig e an long-chogaidh thog i rithe siuil agus cha'n fhaca cuideachd a "Pholly" tuilleadh i. Gun teagamh shàbhail innleachd an Dotair iad o bhi air an glacadh agus air an cur 'gan aindeoin anns an arm-mhara-mar sin rinn e seirbheis mhaith do dh' Eilein Phrionns' Iomhair cho math 's do'n luchd-turuis. Na'm biodh na daoine òga a bha air bord a "Pholly air an deallachadh bho 'n t-seann mhuinntir, cha bhiodh an diugh urad de theaghlachan sona, sealbhach, anns an Eilein. Goirid an deigh do na tuiteamais a chaidh ainmeachadh tachairt bha 'm "Polly" gu luath a teannadh ri ceann a turuis. An deigh dha 'n fhear-ionaid a bhi beagan laithean 'na phrìosanach chaidh a leigeadh mar sgaoil, ach bha e 'cumail air leith leis fein, na chuil bhig, far an do dhluth lean e air beachdachadh air a chuid leabhraichean-lagha. An uair a rachadh e suas air a chlar-uachdar dh' fhanadh e as an rathad air a chaiptean, agus cha mho a bha toil aige a bheag a radh r'a cho-luchd-turuis. Ach mu dheireadh chunnacas fearann-an toiseach Newfoundland agus an sin Ceap Breatunn; agus a dol troimh Chaolas Chanso an uine bheag chunnacas fearann iosal Eilein Phrionns' Iomhair, agus na craobhan air an Eilean mar gu'm biodh iad a fàs as an uisge. An ceann beagan uairean bha 'm "Polly" mu choinneamh nan tràighean bàna, agus gu h-aithghearr bha i mu'n cuairt air <eng>Point Prim<gai> agus thilg i a h-acaire anns an àite ris an canar an diugh <eng>Port Selkirk,<gai> far an robh aig an Iarla da phios fhearainn anns an robh 20,000 acair 's gach aon. Cho luath 'sa dh' fhaodadh e an deigh do 'n "Pholly" <eng>Port Selkirk<gai> a ruigheachd chaidh Alasdair air tii agus rinn e a rathad troimh 'n choille do Bhaile Shearlot, gun aige ach blàradh a bh' air na craobhan bho 'n uair a bha na Frangaich a tuinneachadh ann. Cha robh Baile Shearlot aig an àm sin ach air gle bheagan de luchd-tuinneachaidh, ach b'e cathair an riaghlaidh e agus an sin bha suil aig an fhear-ionaid gu'm faigheadh e ioc shlàinte air son gach leon a fhuair e 'na inntinn, agus làn dioladh air son gach eucoir a rinneadh air. 'Se 'chiad rud a rinn e 'nuair a ràinig e fear-ceartais a ruighachd dh' an do dh' innis e a h-uile eucoir a rinn an caiptean air-mar a bha e air a phrìosanachadh gu h-eucorach air a chuan. Fhuair e 'n sin gu oifig a phosda a bha air a chumail an uair sin le fear <eng>Benjamin Chappell<gai>, agus chuir e litir a dh' ionnsuidh <eng>Iarla Shelkirk<gai>, anns an do chuir e 'n céill gluasad a chaiptean ris an luchd-turuis an doigh uamhasach. Air an ath latha bha barrantas air a thoirt amach leis an fhear-ceartais ris an robh an gearan air a dheanamh, agus bha buidhean mhor de mhaoir-sith air an cur air falbh le bàta gus greim a dheanamh air a chaiptean 's a thoirt do Bhaile Shearlot. 'Nuair a chunnaic an caiptean am bàta tighinn cha do ghabh e amharus sam bith, agus cho luath 's a thainig iad air a chlàr-uachdar rug am fodh-shiorram air, a sealltuinn a bharrantais. Mar sin fhuair an caiptean e fein na

phrìosanach mu'n robh fios aige c'àite 'n robh e. Bha e 'n sin air a thoirt do Bhaile Shearlot agus air a chur 'sa phrìosan. Le e bhi 'na choigreach, agus na cùisean a bha na aghaidh cho cudthromach cha'n fhaigheadh e urras, oir dh' innis am fear-ionaid a naigheachd cho innleachdach 's gur ann a bha muinntir a bhaile a' creidsinn gur e spùineadair mara a bha 'sa chaiplean. Aig àm suidhe na h-ath chùirt fhuaradh ciontach e dhe na cùisean a bha na aghaidh, agus chaidh càin mhor a chur air, agus o nach robh airgid aige chuireadh dha 'n phrìosan e gus an d' fhuair e seòl air fuasgladh.

Ach aig a cheart àm bha 'n Dotair a cur an luchd-turuis le 'n cuid treallaich gu tìr, agus bha fearann air a shònrachadh do cheannardan nan teaghlaichean. Thuinich am fear-ionaid air dà chiad acaire a thug an t-Iarla dha, agus le dichìoll neo-chumanta dh' oibrich e gu buanachdail a réiteach an fhearainn. Bhiodh e a 'gabhail chùmhnanntan bho 'n riaghladh agus bhiodh e a fàsadh dhaoine gu fosgladh raidean mora air feadh na dùthcha, agus bha e mar sin air a chùnntas mar urra mhor anns an eaglais agus anns an staid. Ach cha do lean e air a bhi na fhear-ionaid aig an Iarla an deigh dha tighinn do 'n Eilean-bha duin'-basal eile a bha ni b' fhearr air son a ghnòthuich air a shònrachadh. An deigh beagan bhliadhnachan chaill am fear-ionaid a bhean 's phòs e a rithist. Dh' fhàs a theaghlach suas mu'n cuairt air, agus bha a ghabhail fhearainn a b' fhear a bha 'san sgìre aige. Ach dhùisg an spiorad cònspoideach a bh' ann a rithist suas, agus thug sin léir-sgrìos iomlan air. 'Nuair a reitich an luchd-àitich am fearann 'sa chaidh na h-achaidhean ni bu mho bhiodh deasboid aca air uairean nu na crìochan, agus is ann le aon de na tagraidhean conspoid so a chaill Alasdair a chuid agus a thuit e ann an ainbhfhìachcha deanadh na seanna laghannan a bh' aige an Albainn feum sam bith dha, 's mo a bha iad a deanamh de choire dha-agus mar sin chaill Alasdair laghail, mar a theirte, a chuid saibhreis. B' eiginn dha am fearann a reic a phaidheadh gach costas; agus ghabh e crìoman fearainn an àit iomalach far an do chrìochnaich e a làithean.

(A' chrìoch.)

Cia mar a Chumar a Ghaidhlig Beo.

LE IAIN MAC PHAIDEIN, GLASCHU.

“'Bhi g a h-éisdeachd, ga labhairt, 's ga seinn,
Ga leugh 's ga cleachdadh ri 'r cloinn.”

Tha 'n sean-fhacal ag radh—“Gur a miosa na 'n t-uireasaibh tuilleadh 'sa choir,” agus air eagal gu 'm faod mise tuilleadh 'sa choir a radh air a chuspair so, cha 'n abair mi dìog ach an da shreath a dh' aithris mi cheana. Ach cuiridh mi sìos briathran comhraidh mu 'n chuis, a chuala mi eadar da Ghaidheal. Tha 'n Gall a smaointinn nach eil da bheachd ann am measg nan Gaidheal, mu 'n Ghaidhlig a chumail beo, ach cha 'n e sud an aon bheachd cearr a th' aig a' Ghall mu 'n Ghaidheal. Tha 'n comhradh mar a leanas:—

“Tha latha math ann an diugh, Alasdair” “Cha’n eil mise ag radh nach ’eil a Dhughaill, mar a bheil toil do chomhsachadh agad.” “Ma ta, sann a comhsachadh a bha sinn, an uair mu dheireadh a thachair sinn.” “Cha rachainn idir an urras nach ann, ged nach eil cuimhn’ agam; ciod uime ’bha sinn a comhsachadh?” “Bha sinn a deispeireachd mu ’n Ghaidhlig, co dhiu bha e ceart no feumail i bhi air a teagasg anns na sgoilean, no nach robh, no co dhiu bha e chum buanachd sam bith do’n chloinn oig, iad a bhi air an oileanachadh ann an Gaidhlig cho math ri Beurla.” “Tha thu ceart a Dhughaill, tha cuimhn’ agam air a h-uile dad dheth sin a nis, ach mur a d’ atharraich thu do bheachd bh’ uaithe sud, ’sann a comhsachadh a bhitheas sinn an diugh cuideachd.” “Ach ged tha Alasdair, tha e cho furasda

[TD 283]

[Vol. 6. No. 36. p. 3]

Ealasaid-a’-chuain a chuir suas air charadh Beinn-neamhais, sa tha e thusa a chuir as na beachdan a ghabhas tu ann ad cheann.” “Cha ’n eil mise a Dhughaill a gabhail beachdan air a chuis so gu dannarra, ann am cheann no ann am chasan; ach tha mi leigeil le tuigse nàdair mo stiuradh ann an gnothaichean cumanta, dìreach air reir ’s mar a shaoileas mi a tha an tuigse sin ga m’ sheoladh, ’s cha chreid mi gur a cliu mor sin, do chreutair reusanta sam bith. Cha ’n fhaca tu bruid na machrach fein, riamh a ruith a dh’ iarraidh fasnach gu taobh na sion deth chnoch, no deth ’n gharadh-phloc. An d’ atharaich thu do bheachd air a chuis o ’n chunna mi roimhe thu?” “Cha d’ atharaich gu dearbh, thuir mi roimhe e, ’s their mi fhathas e: cho fad sa bhios sinn gu math dheth agus ann an deadh dhoigh, gur coma dhuinn de cànanain a labhras sinn.” “Cha ’n eil teagamh agam nach faodamaid a bhi gu math dheth, agus ann an deadh dhoigh, ged nach biodh cànanain idir againn. Bidh cuimhn’ agad air a bhalbhan bhàn; bha esan ann an deadh dhoigh fad a shaoghail, ged nach d’ thainig smid riamh as a cheann ach, ‘Bap ap pà pà thu.’” “Tha cuimhn’ agam air a sin math gu leoir, ach faodaidh tusa do rogha doigh a ghabhail a chum a’ Ghaidhlig a chumail beo, ach theid a’ Ghaidhlig bas gun taing dhut.” “Theid sinne bas an toiseach a Dhughaill, ach cha d’ theid a’ Ghaidhlig bas gu brath, cho fad sa tha beinn, gleann, no srath an Albainn, an Eirinn agus ann an cuid de Shasunn do ’n d’ thug i an ainm, agus an dealbh toinnte anns an ainm sin.” “Faodaidh sin a bhith, ach tha tuilleadh a’s sin air fhilleadh a stigh anns na briathran: ‘A’ Ghaidhlig a’ chumail beo.’” “Tha mi ag aontachadh leat ann a sin, tha gun teagamh, tha ioma cànanain ann, agus ’se na bheil de bheatha annta, gu bheil iad air taobh nan duileag, a steineadh anns an Leabhar-lann, ach tha iad ann an da rìreadh cho marbh ri corp spìosraichte ‘Nebuchadnezzar,’ ged a chladhaichte ’n uachdar a maireach e.”

“Agus gu de nis an doigh tha thu dol a ghabhail air a’ Ghaidhlig a chumail beo.” “Cha ’n e aon doigh idir, a dh’ fheumar a ghabhail gus a sin a dheanadh, ach ioma doigh. Agus se a cheud doigh, agus anns an dol a mach cuimhnichidh tu, gu bheil a h-uile doigh eile air a toinneamh ann, agus air a bonn-steidheachadh air; a cheud doigh: A

nis o'n tha e againn air ughdarras Oileanaich cho ainmeil sa bha beo 'nar linn fein, gu bheil co-chordadh sonruichte, co-cheangal iongantach, is gann a ghabhas mineachadh, daonnan eadar cànanain agus coslas na duthcha do 'n cànanain i, 'se ma ta a cheud doigh air a' Ghaidhlig a chumail fallain, cothrom a thoirt do shluagh na Gaidhealtachd air an teachd-an-tir fein a sholar, anns na glinn 'san d' rugadh iad agus an sinnsearachd rompa; gu 'm bi cuisean air an atharrachadh o'n doigh anns a faca am bard Ileach iad, 'n uair thubhairt e.

"Cha chluinnear luinneag oighean," gus an gabh e 'g radh ann an da riribh-

"Gu 'n cluinnear luinneag oighean,
Seisd nan oran air a chléith,
'S gu faicear seoid mar àbhaist
A' cuir bair air faiche réidh."

Sin agad an doigh air thoiseach gach doigh, gus a' Ghaidhlig a chumail slàn, fallain, feumaidh tu a chuimhneachadh gur h-ann a bha na Gaidheil ann am prìosan o chionn linn; agus ged a rinn neach an sud 's an so, uair na dha, obair mhor agus urramach 's e ann am prìosan, gidheadh cha 'n eil moran deth leitheadan sin a dol; agus cha chreid mi gu bithinn fada cearr ged theirinn gur h-i 'n smuain air uachdar gach smuain aig a mhor chuid deth na bheil sa phrìosan air an latha 'n diugh—"Cia mar a gheibh mi crioman tombaca?" "Cia mar tha thu deanadh a mach Alasdair, gu 'n robh na Gaidheil ann am prìosan?" "C'àit eile 'n robh iad, a Dhughail? 'Se 'n t-ordugh a fhuair an duine air tus: 'Deth uile chraobhan a' ghàraidh ithe tu, ach an t-aon!' Ach 'se 'n t-ordugh a fhuair an Gaidheal: ach tuige tu, cha b'e 'n aon neach a thug seachad an da ordugh; 'se 'n ordugh a fhuair an Gaidheal, "Cha 'n ith thu deth chraobh idir, cha bhi caora, gobhar, na meann agad cha dirich thu 'n bheinn 's cha siubhail thu 'n sliabh, cha mharbh thu breac no bradan, cha bhean thu do dh' fhiadh no do chirc-fhraoich, no ma bheanas; air an la sin siubhla tu, thu fein 's do theaghlach; siubhlaidh; siubhail an domhain ma thogras tu, cha bhi thu 'n so." "Dian air do shocair, Alasdair, tha 'n darna rud a tha thu 'g radh a diteadh an rud eile, cia mar a their thu gu bheil neach ann am prìosan, ma tha cead a choise aige gus an domhain a shiubhal ma thogras e." "Dian thusa air do shocair a Dhughail, a chionn b' fhearr le moran a bhi ann am prìosan le muinntir an gaoil, agus an daimh, na bhi saor leis na coimhich, cha bu shaorsa leatha e, ach am prìosan dubh." "Faodaidh sin a bhith, ach, 'Cha truagh leam cu 's marag mu amhaich.'" "Dh' fhaoidte nach truagh; mar do smaoinich thu riamh air brìgh an t-sean-fhacail a thubhairt thu ann an sin, ach cha chreid mise gu 'm bi thu fada a smaointinn air 'n uair a chi thu gu 'm faodadh an cu dol bas leis an achdras, agus a mharag mu amhaich. Ged a tha 'mhor chuid deth na sean-fhacail a nochdadh firinn, gliocas agus tuigse; cha bhuin aon chuid dhiu sin do 'n t-sean-fhacal a thubhairt thusa. Ach cha robh a neach a thubhairt air tus e, ach ciontach ann an ni a dh' fhaodadh a bhi cho cumanta na latha san 'sa tha e na 'r latha fein, 'se sin a bhi seanachas, gun a bhi smaointinn air de tha sinn ag radh. A nis sud agad a cheud doigh, agus mar a thubhairt mi

cheana, bonn-stéidh gach doigh eile. Agus tha 'n ath doigh a toiseachadh anns an sgoil ach cha 'n eil e ri stad an sin. Tha mi cinnteach o na tha eolas agad air na sean-fhacail, gu 'n cuala tu an sean-fhacal, 'S obair latha toiseachadh.'"

(Ri leantuinn.)

Roinn de Bhardachd na Gaidhealtachd.

[Chaidh am paipear so a leughadh o chionn ghoirid ann an Glaschu aig coinneamh Comunn Uidhist agus Bharraidh, le Mr Aonghas I. Moireastan, M A.]

Mun teid sinn air aghaidh gu bhi rannsachadh na cuspair chudthromaich so, seallamaid an toiseach am bheil bàrdachd againn a dh' fheudas sinn a rannsachadh. Eadhon ann ar latha fein, cia cho tric agus a chuala sinn a' cheisd air a cur—"Ciod am feum tha ann a bhi cumail suas na Gaidhlig, cainnt mar a ta i, gun litreachas fhiachail sam bith?" Tha 'chasaid sin riamh air ar tòir o'n bha <eng>Dr. Johnson<gai>, leis gach gath cronail agus cumhachdach a b' urrainn da chaitheadh, a tagradh nach robh aig Gael Albainn sgrìobhaidhean foghlumte ri shealltainn, mar a bha aig Gael Eirinn. Dhàsan, bha a' Ghàidhlig na cainnt neo-ghrinn agus neo-ealanta, agus air a labhairt le daoine fiaghaich agus allmhara. "Bha am bard," ars' esan, "na dhuine borb a measg dhaoine borba. Bha e tur aineolach e fein, agus bha comhnuidh a measg bhurraidhean aineolach." Ciod ma ta a their sinn ris a' chasaid so a a ta araon làn nìmh agus suarachas; ris an spiorad naimhdeil so nach 'eil airidh air daoine tuigseach sam bith. Cha 'n 'eil sinne cho teth no cho dian-dhochasach ri cuid de ar luchd-duthcha a ta sealltainn ri Gàradh Eden mar chreathall na Gaidhlig.

Si labhair Adhamh ann am Pàrras fein
'S bu shiùbhlach Gàidhlig o bheul àluinn Eubh.

'Si an aon chanain, am beul nam bàrd 'snan éisg
'Si a's fhearr gu caineadh o linn Bhàbeil fein.

Ach ged nach urrainn sinn sealtainn air ais cho fada sin, gidheadh cha'n fheud sinn cromadh sìos bho spògan ar naimhdean, agus aideachadh gu bheil ar cainnt neo-shnasmhor agus neo-fhoghlumte. Aidichidh sinn gu faoilidh nach 'eil ar bàrdachd air son aon mhionaid ri bhi air a coimheas ris na coimheasan luachmhor sin a ta air an tasgadh suas anns a' Bheurla; ach air a shon sin ta sinn dearbh-chinnteach gu bheil ann ar bàrdachd fein, iomadh maise agus milseachd nach 'eil ri 'm faotainn ach innte fein a mhain. A rithist, chaidh a chur às leth nam bard gu'n robh iad tur aineolach. Cha robh aca gu fortanach uibhir Laidionn ri Johnson. Bha iad cosmhuil ris a chàraid a thòisich air reusonachadh eatorra fein ciod bu chiall do Laidionn. Mhinich an duine i, mar rud eigin a ta ro-fheumail do fhear-deanamh uaireadairean. "Och cha'n e," arsa ise, "'s e tha ann ni a dh' ionnsaichear 'san sgoil." Có dhiu cha d' thainig iad gu co-dhùnadh, ciod bu bhrìgh do Laidionn, agus thog iad

an cùis gu "Màiri bhan" a bha san sgoil. "'Si Laidionn," arsa ise, "am," tha mi gràdhachadh, "amat," tha esan a' gràdhachadh "amatus" tha sinne a' gràdhachadh. Fhreagair an duine gu h-ealamh "Ma 'se Laidionn

(Air a leantuinn air taobh 286.)

[TD 284]

[Vol. 6. No. 36. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 4. MART, 1898.

Bha muinntir Ontario a' taghadh pàrlamaid ùr Di-màirt s'a chaidh. Aig àm sgrìobhaidh cha 'n eil fhios ro mhath gu de 'n taobh a fhuair buaidh. Tha na <eng>liberals<gai> a' deanamh a mach gu bheil deich a bharrachd aca-san, ach cha 'n eil sin ceart. Faodaidh gu bheil àireamh bheag a bharrachd aca, ach 's àireamh gle bheag i. Tha na <eng>liberals<gai> an dreuchd an Ontario o chionn còrr us fichead bliadhna, agus anns an ùine sin cha d' fhuair iad riamh tilleadh cho mor 'sa fhuair iad air an turus so. Ach tha aon ni math anns an dùthaich so; ge b'e taobh a bhios a' riaghladh, cha teid aca air a dhol ro fhada cearr gun a bhi air an cur ceart leis an t-sluagh, agus mar sin cha leig sinn a leas moran eagail a bhi oirnn gu 'm bi an dùthaich air a droch riaghladh. Faodaidh gnothuichean a bhi car leibideach ann an Ontario air sàileabh an da phàirtidh a bhi cho faisg air a chéile ann an àireamh; ach cha 'n eil fhios nach fhad sinn a chluinntinn fhathast gu bheil gu leor aig aon phàirtidh gus a' mhor-roinn a riaghladh gun a bhi 'n eiseamail na pàirtidh eile.

Feumaidh ar leughadairean ar leisgeul a ghabhail air son cho mi

riaghailteach 'sa bha MAC-TALLA a tigh'nn a mach re an da mhios a chaidh seachad, agus air son an clò a bhi car cearbach air uairean. Mar a tha fios aca cheana, fhuair sinn inneal ùr chlo-bhualaidh mu Bhliadhn' Ur, agus cha d' fhuair sinn fhathast a cur air dòigh cho math 's gu 'n dean i an obair mar bu mhath leinn i bhi air a deanamh. Ach tha sinn an dùil nach bi aobhar ghearain aig ar leughadairean moran na 's fhaide. Bidh am paiper a mach an deigh so air an latha àbhaisteach, agus tha dochas againn gu 'm bi an clo-bhualadh a' dol na 's fhearr gach seachdain.

Cha 'n eil fìor mhoran a' dol air adhart anns an Ard-phàrlamaid aig an àm so ach deasbud mu 'n rathad-iaruinn a thatar a' dol a thogail do 'n <eng>Yukon<gai>, agus cha 'n eil solus ùr sam bith 'g a chur air a chùis. Thuirt ceannardan nam pàirtidhean gu ire bhig na bh' aca ri radh cheana, agus ged a bhios an deasbud air a leantuinn, cha bhi 'ga chumail air adhart ach na "daoine beaga," agus mar sin bu cho math e sgur gu buileach. 'Se togail an rathaid so a chùis a's cudthromaiche a thainig air beulaobh na pàrlamaid air a bhliadhna so; tha nithean eile ri tighinn a bhios a cheart cho airidh air deagh aire fhaotainn, agus cha 'n eil teagamh nach fhaigh iad sin. Tha e gle riatannach gu 'm biodh gach ni dhe 'n t-seorsa so air a dheagh rannsachadh mu 'n cuirear aonta na pàrlamaid ris, 's mu 'n deanar lagh dheth.

Tha 'n rathad-iaruinn ris an canar an t-Intercolonial a nise air fhosgladh cho fada ri Montreal. Roimhe so cha robh e 'dol na b' fhaide na <eng>Levis<gai> ann an Cuibeic, agus bhiodh dragh mor aig luchd-turuis oir bhiodh aca an sin ri dhol gu Montreal air rathad eile. Ach rinn an Riaghladh air a bhliadhna s'a dh' fhalbh pios rathaid a cheannach air am bheil iad a' dol a ruith charbadan á <eng>Levis<gai> gu Montreal, agus a nise gheibh duine dhol eadar Halifax us Montreal gun tigh'nn as an aon charbad. Nithear an turus eadar an da bhaile ann am beagan a bharrachd air seachd uairean fichead de thim. Bidh so moran na 's deiseile 's nas toilichte do luchd-turuis, agus a bharrachd air sin cha 'n eil teagamh nach toir e an rathad gu h-iomlan gu bhi pàigheadh na 's fhearr na bha e roimhe so.

Bha Baile Shearlot, E. P. I., o chionn ghoirid a' taghadh luchd-comhairle. Am measg chàch fhuair aon duine stigh d' am b' àbhaist a bhi creic deoch làidir gu mi-laghail. Bha e air a chur d'an phrìosan air son na cionta sin gu tric, 's thatar ag radh gu'n deanadh an ùine chuir e seachad anns n ionad-chòmhnuidh sin suas fhichead bliadhna 'nam biodh i air a cur cuideachd. Feumaidh gu robh fairtleachadh air muinntir a bhaile duine fhaotainn a ghabhadh an dreuchd 'nuair a chuir iad a leithid sin de dhuine stigh.

Ma tha thu gabhail MHIC-TALLA feuch nach dean thu dearmad air a phàigheadh. Cha 'n urrainn dhuinn am paiper a chumail riut a nasguidh. Cha 'n eil sinn ag iarraidh air a shon ach dolair 'sa bhliadhna, agus 'se'ar barail gur fhiach e sin. Mur eil thusa dhe 'n bharrail sin cuir uat e gu buileach. Ach na bi 'ga ghabhail idir gu 'n a bhi 'ga phàigheadh.

Tha na buinn airgeid a tha aca ann an Corea anabarrach beag agus air fìor bheagan luach. Gabhaidh e mìle dhiubh gu fiach leth-chrùn a dheanamh.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhìrionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stòr anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth, <gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 285]

[Vol. 6. No. 36. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha na giomaich a' creic ann am Boston air fichead dolair am bocsa.

Dh' fhalbh duin' air fhichead á <eng>Glace Bay<gai> air an t-seachdain s'a chaidh, 's iad a dol gu ruige <eng>Crow's Nest Pass,<gai> far am bheil iad a dol a dh' obair ann am méinn ghuail.

Cha d' fhuair am "Bruce" a stigh do Shidni Tuath air an t-seachdain s'a chaidh gu Dior-daoin. Bha i 'n sàs anns an deigh fad da latha. Bha mu shia fichead duine aice air bòrd.

Bha an t-side anabarrach briagha air a mhios s'a chaidh: tha iomadh bliadhna o nach robh ceud mhios an earraich cho sìtheil 'sa bha e air an turus so. Ach ged a bha e briagha againne, bha e doirbh gu leor ann an àiteachan eile.

Chaidh Rufus Welch, gille òg, aois choig bliadhn' deug, air seacharan ann am Braigh <eng>Economy, N. S.<gai> air an treas latha deug dhe 'n mhios a dh' fhalbh, agus fhuaras marbh e an ceann shia latha, àireamh mhiltean o dhachaidh.

Shearmonaich an t-Urr. I. F. Forbes ann an Louisburg la na Sàbaid s'a chaidh, agus an t-Urr. E. B. Mac Raing aig Aiseag Mhira. Shearmonaich an t-Urr. Iain Falconer ann an eaglais <eng>St. Andrew's,<gai> agus an t-Urr. Uilleam Calder ann an eaglais Stràid Falmouth.

Chaidh duine dubh agus a theaghlach a mhort gu brùideil ann am baile beag an aon de na Stàitean a deas, an oidhche roimhe. Bha an duine dubh 'na phost-mhaighstir anns a' bhaile; bha cuid de na daoine geala 'ga mheas mar thàmailt e bhi 'san dreuchd sin, agus thainig iad r'a bheatha. Cha deach ionnsuidh sam bith a thoirt air na mortairean a thoirt gu ceartas.

Cha 'n fhada gus am bi an acarsaid so air a cuartachadh le mèinnean guail, 'se sin ma gheibhear gual anns gach àite 'm bheilear a cladhach air a shon. Thatar an dràsda cladhach aig <eng>Point Edward.<gai> Tha pailteas guail anns an talamh anns an t-siorrachd so, agus tha sinn an dochas nach fhada gus am bi mèinnean ùra air am faotainn 's air an obrachadh.

Thatar a' smaoineachadh gu 'm bi roinn mhor de dh' obair air a dheanamh anns na mèinnean òir air feadh Nobha Scotia air a bhliadhna so, agus tha dùil ri barrachd guail a chur a mach á mèinnean Cheap Breatunn am bliadhna 'sa chaidh a chur asda o chionn fhuda. A bharrachd air sin tha 'n obair iarunn ri dhol air adhart, agus eadar gach ni a th' ann tha dòchas aig daoine gu 'm bi a bhliadhna so 'na bliadhna shoirbheachail do Nobha Scotia 's do Cheap Breatunn.

Chaidh fear Uilleam Domhnullach agus a bhean, a thoirt gu ceartas ann an <eng>Oldham, N. S.,<gai> o chionn ghoirid air son droch dhiol a rinn iad air nighinn bhig a bha fuireach còmhla riutha, nighean peathar no bràthair do 'n Domhnullach fhéin. Ghabh iad oirre cho

dona 's gu 'n do theich i do thigh coimhearsnaich. Chaidh cain fichead dolair an urra chur orra a bharrachd air cosguis, agus 's bochd an gnothuch nach ceadaicheadh an lagh tùilleadh peanaist a dheanamh orra.

Chaidh duine ghlacadh aig <eng>Leitche's Creek,<gai> Dihaoine s'a chaidh, air amhrus gu 'm bu mhortair e. Chaidh fear Tòmas D. Newton, a bhean agus a nighean, a mhort ann am Boston beagan an deigh na Bliadhn' Uire; theich am mortair agus cha d' fhuaradh sgeul air uaithe sin. Is Gearmailteach am fear a chaidh a ghlacadh aig <eng>Leitche's Creek.<gai> Tha e anns a phrìosan ann an Sidni Tuath, far am bi e air a chumail gus am faighear fios á Boston an e an duine tha dhith orra.

Chaidh tigh tuathanaich faisg air <eng>Orillia, Ontario,<gai> 'na theine air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha a bhean 's a thriùir chloinne air an losgadh gu bàs.

O chionn dha no trì sheachdainean, tha mèinn a <eng>Reserve<gai> ag obair dha no trì lathaichean 'san t-seachdain. Cha 'n aithne dhuinn gu bheil na mèinnean eile ri obair sam bith.

Chaochail an t-Ard-easbuig Cleary, ann an <eng>Kingston, Ont.,<gai> a sheachdain gus an dé. Bha e air aon de na h-easbuigean a b' inbheiche anns an eaglais Chaitliceach ann an Canada.

Chaidh Uilleam <eng>Jones<gai>, duin' òg a mhuinntir Chanaan, N. S., a mharbhadh air an t-seachdain s'a chaidh. Bha e falbh air an rathad-mhor le lòd connaidh, agus chaidh an t-sleighe thairis. Fhuaradh esan fo 'n lòd agus e marbh.

Chaidh dithis dhaoine mharbhadh le tuiteam guail ann am mèinn Dhrummond, ann a' <eng>Westville, N. S.,<gai> Di-luain air an t-seachdain s'a chaidh. B'ainm dhaibh <eng>Robert Simpson<gai>, agus Andra Darrach. Chaidh dithis no triùir eile a ghoirteachadh.

Chaidh càraid a dhealachadh leis a chùirt ann a' Halifacs air an t-seachdain s'a chaidh. Phòs iad o chionn cheithir bliadhna air ais, agus bha iad a fuireach cuideachd gus o chionn bliadhna. Cha robh esan ach naodh bliadhn' deug, agus ise sia bliadhn' deug, 'nuair a phòs iad.

Rainig ceathrar Fhrangach a bha 'g obair air an rathad-iaruinn ann an <eng>Crow's Nest Pass,<gai> baile Winnipeg o chionn beagan us seachdain air ais, 's iad an deigh a h-uile ceum dhe 'n astar a dheanamh dh' an cois. Bha iad air an rathad riamh o oidhche Nollaig. Cha b' iognadh ged a bhiodh iad sgith.

Bha stoirm mhor shneachda ann am Cuibeic air an t-seachdain s'a chaidh-bha 'n sneachda cur gun sgar fad dha no trì lathaichean. Bha na carbad-iaruinn gun chothrom gluasaid fad na h-ùine sin, agus bha gnothuichean air an cumail air ais gu mor. Cha d' fhuaradh litir no paipear á Montreal an so fad cheithir latha.

Tha Lyman Dartt ri bhi air a leigeil m'a sgaoil. Rinn Ministear a Cheartais a mach nach robh dearbhadh sam bith air ciont' a ghille, gur h-ann a bha gach ni a dearbhadh gu robh e neo-chiontach agus uime sin, tha an t-òganach ri bhi air a shaoradh. Tha 'san ainm gu 'n do dh' aidich Dartt e chionn ghoirid gu 'm b'e a mharbh an duine, ach gu 'm b' ann le tuiteamas. Bha e coiseachd troimh 'n choille 's an gunna aig' air a ghuallainn; thuit e agus loisg an urchair. 'N uair a thainig e dh' ionnsuidh an rathaid fhuair e an duine marbh; ghabh e an t-eagal agus cha d' thug e guth air a' ghnòthuch, an dùil nach fhaighte mach e. 'Si bharrail choitichionn gu bheileas a' deanamh ceart ann a bhi 'ga chur m'a sgaoil.

Bha soitheach mor Frangach d' an ainm <eng>"La Champagne,"<gai> air a toirt a stigh gu Halifax, feasgar na Sàbaid s'a chaidh, an deigh dhi moran cunnairt agus ànraidh fhulang a tigh'nn thairis air a chuan. Dh' fhag i <eng>Havre<gai>, anns an Fhraing air an 12mh latha de Februaraidh, agus air an 17mh latha bhrist pàirt de h-innealan. Dh' acraich i an sin, ach an la-iar-na-mhàireach bhrist an càbull, agus fad choig latha 's choig oidhche bha i air a tilgeadh a null 'sa nall leis an stoirm. 'S ann air bancaichean Newfoundland a bha i, agus bha ceò gle thiugh ann. An ceann nan coig latha chunnacas soitheach no dha, agus tharruinn te dhiubh gu Halifax i. Bha mu thri cheud de luchd-turuis oirre, agus bha iad gle thaingeil faotuinn gu tir an deigh gach deuchainn troimh 'n deachaidh iad.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

"Sydney, C. B.<gai>

[TD 286]

[Vol. 6. No. 36. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 283.)

gràdh, agus gradh Laidionn, cha robh feum 'sam bith agadsa air dol do'n sgoil; oir a tha nadur fein comasach air sin a theagasg." Feudar a ni ceudna a radh mu thiomchioll a mhòrchuid do àr bàird. Fhuair iad an t-ionnsachadh sin a ta na aonar airidh air an ainm ann an sgoil naduir. A measg cnuic ghorm, mhaiseach an dùthcha, bha iad eadhon o'n òige ag òl suas iomadh leasan cudthromach o nàdur. Lion beuc na bras-shruth agus sealleadh na beanntaibh arda an cridhe agus an anam le gach ni a bha fìor agus uasal. Ciod an feum mor a bha aig Rob Donn air ionnsachadh, fear 's am bith a b' urrainn rann orain a dheanamh 'nuair a bha e trì bliadhna dh'aois. Chuala sibh uile an eachdraidh roimhe, ach cha mhisde sgeul maith innseadh dà uair. B'e fasan an àite bhi còmhach clann bheag mar a bha Rob, le gùn beag, smiorail agus e dùinte air a chùlthaobh. Fhuair ar bard òg fear dhiu sin, agus cia luath agus a dheirich e 'sa mhaduinn, bha e mar a bha coltach, deonach air a leigeil fhaicinn air gun na putain a dhùnadh; 'mach a leum e mar a bha e, gus an do choinnich a 'mhàthair e. An déigh dhi a chàineadh gu ciatach, fhreagair Rob air a shocair:-

"'S math dhòmhsa bhi 'n diugh gun aodach,

Le slaodaireachd Mhurchaidh 'IcNeill;

Mo bhroilleach chur air mo chùlthaobh

'S gun a dhùnadh agam fein."

Tha an rann sin, a ta na obair iongantach do aois trì bliadhna, na dhearbhadh druighteach air gu'n robh bàrdachd dualach do'n Ghael, araon anns a' Ghàidheltachd agus an eileanan na h-Alba. Cha'n

urrainn fòghlum gu bràth gibhtean ùra a thoirt do neach agus cha bhàrd esan nach 'eil gu nàdurra na bhàrd. Ta cumhachdan inntinn anns an duine, eadhon mar a ta ceòl anns a' chlàrsaich. Ceart mar a ta 'n ceòl air a tharruing a mach as an inneal sin, ta fòghlum a leasachadh, agus cha'n ann a toirt seachad an tàlann a ta air siubhal an duine. Mar sin feudaidh obair nam bard bhi gle mhaith, ged nach faigh sinn annta an t-àrd-fòghlum sin air am bheil ar n-eascairdean an seilbh. Gun luaidh air a sin, cha robh na bàird cho aineolach agus a ta mòran ullamh gu bhi creidsinn; oir bha aig moran aca a bheag no mhor de ionnsachadh. Ach co dhiu bha gus nach robh ciod an gnothuch a ta aig daoine claon-bhreitheach breith thort air cànanin dhe nach aithne dhoibh ni 's mò na "cia mar tha sibh" agus sin gu neo-iomlan. 'Se an Gaidheal agus an Gaidheal na aonar, a's urrainn a chànain agus a bhàrdachd fein a lan-thuigsinn, agus an sin a luach a mheas.

Tha obair nam bàrd air a sgaoileadh feadh se ceud deug bliadhna ach cha'n urrainn dhuinn ainmeachadh an so ach feadhainn de na na bàird a's fearr, mar a ta "Oisein," Donnachadh Bàn, Alasdair Mac Mhaighistir Alasdair, Rob Donn, agus beagan fhacail air bàird Uidhist againn fein. A fàgail a mach marbhrainn agus bàrdachd sholaimte, feudar sgrìobhaidhean a bhuidheann sin a roinn na ceithir earannan. Tha a cheud earann a labhairt air cogadh, an dara air fleadhan agus cuirmean, an treas air gràdh-dùthcha, agus an ceathramh air gaol.

Na'n òrain chogaidh, tha iad a luaidh air an sinsearan agus air an càirdean; agus dh' fhàg iad againn cuimhneachain air an treubhantas nach caochail a chaidh. Ta gaisgich Oisein air an dealbh air dhòigh a ta g'ar giùlan air aghaidh le furachas iongantach. Tha na bàird dìreach a toirt cùntas dhuinn air euchdan anns am biodh iad fein glan ullamh gu bhi gabhail pàirt, le sunntachd agus smioralachd. Ma sheallas sinn ri bàird eile gu h-àraidh na Sasunnaich, chi sinn iad, mar gu'm biodh, a gabhail sealladh bradach air an nàmhaid o'n àite fasgaidh air an t-sliabh, agus a feuchainn ri ar n-inntinn a ghluasad eadhon mar a bha an glùinean fein a gliocarsaich leis an eagal. Air an laimh eile, ta sgrìobhaidhean nan Gaidheal làn de bhlàthas, agus an cainnt a reir an treubhantais a ta iad a cur an céill. Bha a chuid mhor dhiu na'n luchd leanmhuinn dhùrachdach air taobh nan Stiubhartach. Bha MacCodrum, ar bàrd urramach fein, gu teth air taobh a' Phrionnsa agus cha do chaill a riamh a mhisneach nach biodh na Stiubhartaich fathast air an crunadh. 'Na "Oran mu'n Eideadh Ghaidhealach" chunnaic e sealladh air Gaidheil ghranmail, sgeadaichte 'san fhéileadh, a gluasad gu stàtail mu gheataibh Lunnainn, an deigh dhaibh Rìgh Deòrsa a thilgeadh bhar na rìgh-chathrach. Ach tha MacCodrum agus Donnachadh Bàn ag ionndrainn an fhéilidh a chaidh a thoirt uatha le Achd Parlamaid, pailte cho mor ris a Phrionnsa. 'Se Mac Mhaighistir Alasdair na aonar do 'm bheil cogadh mar anail a bheatha, agus 'se a's garga gu mor dhe na bàird.

Tha an òrain fleadhach no cuirmeach gu bitheanta a gabhail taobh blàth ri "Mac-na-Braiche," cha'n ann a' chionn gu bheil iad tartmhor; ach do bhrìgh agus gu bheil e maith, agus gun dean e cairdeas ni's dìongmhalta. Tha 'n greadhnachas cridhail; oir cha bhi

mulad far am bi 'm botul. Ta e na

“Ghille beadarrach sùgach,
Tha 'na chleasaiche lùghor;
'S ro maith bhreabadh an t-ùrlar,
Agus a thionndaidh gu briosg.’

Cha'n 'eil cuimadh no spiocaiceachd ri bhi ann, agus ta leth-stopan agus ni sam bith coltach ri 'stuaim air an cronachadh. Air leò gu bheil am beatha uile gu leir air a dheanamh nis taitniche; agus cha'n 'eil iomradh idir air ciod e toradh a mi-stuaim. Gu de'n gnothach tha acasan ri smuaintean mu thiomchioll an latha maireach. “'S leor do gach là olc fein.” Tha chuideachd chridheil a sgaoileadh, cha'n ann do bhrìgh agus gu bheil nis leòr aca cheana, ach—

“O'n shuidh sinn cho fada,
Agus a dh' ol sinn na bh' again,
'Si chòir dol a chadal,
O'n thainig an t-am.”

Cha'n 'eil an so ach aon taobh de obair nam bàrd. Tha chuid mhòr de'n bhàrdachd Ghaelach dubhach agus muladach, mar gum biodh buaidh mhairennach aig na h-òrain sin a ta 'seinn mu dhoilghios agus àmhghar, 'nuair a ta òrain eutrom agus sporsail ullamh gu bhi air an dichuimhneachadh air ball. 'S ann a measg nam bard Uidhisteach a gheibhear a cheud oranaiche a ghabh mar phrìomh chuspair aoireadh agus spors. Tha “Gille na ciotaig” gu ceart air sealltainn suas ris mar a neach is àirde agus is cleasanta dhe na bàird. Tha “Aiseirigh Iain Ruaidh” agus a “Sgiobaiceachd” anabarrach uile geur-fhaolach agus sgaiteach agus aig an aon àm làn de spòrs agus aiteas. Cha'n 'eil 'aoirean cho àrd ri “Pìob Dhòmhnuille Bhàin” aig Mac Codrum; oir a ta 'n t ughdar sin ach gu beag cho cumhachdach ri Mac Mhaighstir Alasdair. Tha briathran MhicCodrum glan agus eireachdail agus saor o'n anacaint a ta gu tric taruinn eas-urram air mòran dhe na bàrd, agus a ta obair a leigeadh ris an làn uachdranachd a bha'ige thairis air a chanain fein. 'Nuair a leughas sinn a leabhar, 'se am faireachduinn a's làidire a ta againn gu bheil na focail ionngantach ceart. Tha sinn a faotainn toil-inntinn cha'n ann anns na dealbhan a ta e tarruinn ach anns no briathran anns am bheil e ga 'innseadh féin.

A measg dhaoine teò-chridheach mar a ta na Gaidheal feudaidh duil a bhi againn air iomadh luinneag a ta luaidh air ar dùthaich mheasail fein. B' urrainn doibh a gràdhachadh eadhon mar bhana-charaid chaomh. Tha gràdh an dùthcha treibhdhireach agus onarach, gu tric ag amharc air ais air glòir na tim a dh'fhalbh le osna throm, agus ghearanach. Am foun druighteach, ta iad a cur an céill duinn maise nan gléann san robh iad òg, ach a nis a fulang iomadh caochladh. Tha iad a labhairt gu tric air companaich an òige. Cait' am bheil iad a nis? Ta iad aon chuid a fulang tàire, no air siubhal do thir na dichuimhne. Tha iad a faireachduinn gu bheil eadhoin aghaidh nan gleann a nis gruamach agus mi chaoimhneil. Ta iod a caoidh gu bheil na h-uile ni diombuan agus siubhlach agus tha iad a dianthogradh air

son rudeigin a ta maireanach. Tha an òrain làn do chaoidh os ceann cleachdaidhean Gaidhealach a ta nis air seargadh air falbh; agus a ta 'm bròn folaiseach 'nuair a ta iad a seinn air na fogarraich a rinn aite do "fhéidh agus do chaoraich bhana." Bha an doilghios ni bu mho air dhoibh mothachadh nach robh iad ach a breabadh an aghaidh cùisean a bha do leasaichte. 'Nuair a sheinn iad air an tìr fein, bha 'n cridhe cur thairis agus an inntin agus am bodhaig làn do spionnadh. Tha an cunntasan dealbhach agus an sealladh maiseach agus sòlasach. Am "Beinn Dòrain" agus "Coire-cheathach" chi sinn na h-àiteachan fa chomhair ar sùil, pailt cho maith agus ged a bhitheamaid ri 'n taobh. Anns a chuis so feudar an t-ùghdar sin a chùr air an aon suidheachadh ris an

[TD 287]

[Vol. 6. No. 36. p. 7]

fheadhainn a's fhearr do na bàird Ghalda. Tha storas cainnt araon cliù-thoilltinneach agus do-thraoghaigh; agus a ta e gnàthachadh samhlaidhean lionmhor le teòmachd chomharraichte. Do na bàrdaibh, b'e Ghaidhealtachd tìr na maise ann an geimhlimh. Eadhon MacCodrum, ta e coimheadh ni thir fein, mar dhara Pàrras. Lom, fuar, ged a bha i, ghràdhaich e i leis an urram sin a's cubhaidh do mhac dligheach a thoirt do mhàthair fein. Fhuair e na machraichean germa, pailteas maisealachd a bha comasach air seasamh an àite blàth na craobh; agus a coimhead thairis air a neo-ghoireasachd bha i dhasan na

"Tìr nan curaidh, tìr nan cliar,
An tìr bhiachar, fhialaidh, mheasail,"

Thig sinn a nis a dh' ionnsuidh an earann mu dheireadh agus is mo de 'r bàrdachd, an earrann sin a ta labhairt air gaol. Tha òrain ghaoil a deanamh suas a chuid mhor de litricheas na Gàidhealtachd. Tha iad mar so fìor do'n fhacal-aithris gu bheil am bàrd de gach creutair talamhaidh, gu h-àiridh mothachail air gaol. Tha an obair a leigeadh ris gu'n robh iad tur-eòlach air gach cuisle a ta beantuinn ris a chridhe. 'Se gaol na aonar an aon chùis mhor, a ghabh iad ris 'n uile chridhe agus a sheinn iad, le sòlas ro-bhlasda. Ta an duanagan air am measgachadh le milseachd, bàighealachd agus dùrachd nach 'eil ri 'm faotainn ann am bàrdachd sam bith eile. Ta an tàladh neo-chiontach, an cronachadh ciuin agus am brìodal milis leis an robh suiridhe nam bàrd air a cur air aghaidh, pailt cho feumail 'san là 'n diugh, agus 'se so an reusan gu bheil na h-òrain sin, ged a tha iad ceudan bliadhna a dh' aois, cho ur agus a bha iad riamh. Cha'n urrainn do 'n t-sean-ghille a's cruaidhe cridhe an leughadh, gun bhi cur as a leith fein gu'n robh e gu ruige so fuar agus mi-chàirdeil. Tha MacCodrum na aon de 'n chuideachd bheag sin nach do sgriobh luinneag ghaoil. Bha tuilleadh 'sa chòir de mhnathan aige gu bhi leigeadh dhuinn bhi creidsinn gu robh a chridhe dùinte do shaighdean "Chupid." Ach o aobhar air choir-eigin, co-dhiu bha maighdeanan Uidhist ni bu neo-thruacanta na feadhainn eile no bha 'm bàrd tuilleadh a's dìongmhalta gu bhi air a ghiulan air falbh le gaol a theid as an t-sealladh mar dhealt fa chomhair grian an t-samhraidh,

cha 'n eil iomradh sam bith againn air leannanachd a rinn esan. Maille ri moran eile de na bàird bha boidhchead nan oighean air a cur sìos ann ann cainnt mhilis agus bhlasda. Dh' fhairich Bob Donn tha e gle choltach, beagan de'n tinneas cridhe so. Mheall Annag an òr-fhuilt bhuidhe e agus ruith i air falbh le saor sgiobalta o'n taobh deas agus sheinn e 'na àmhghar, "Is trom leam an àiridh."

Tha fios maith nach robh Annag mhealltach so riamh toilichte an déigh cridhe a' bhàird a mhilleadh, agus bu bhliadhna leatha gach latha anns an taobh deas. Bha aig Mac Mhaighstir Alasdair a Mhorag fein, ged a bha e posda. Cha'n iognadh leinn ged a dh' fhàs a bhean eudmhor 'nuair a chual i am bàrd a labhairt le tàir air an "t-snuim a dh' fhanas 's nach tréig," agus a leig e ris a dhorran gu robh e idir air a cheangal leis na "bànntaibh daingein" sin. Ach 'se Donnachadh Bàn, "Burns" na Gaidhealtachd, agus tha "Mhàiri Bhàn Og" anabarrach coltach ri Màiri a' bhàird sin. Feudar an t-òran sin aig Donnachadh Bàn a leughadh taobh ri taobh ris an òran is fhearr a ta 'sa Bheurla. An so tha e dòirteadh a mach smuaintean sona agus gaol iongantach a leannain. Tha e coimeas a chene ri "reull na maidne," sguab de 'n ire fhior-ghlan chruineachd, géug fo bhlàth o 'bàrr gu talamh a lùb mi farasda nuas. Bha 'h-anail cho curaidh ri ùbhlàn meala, deud geal iobhraidh agus a "briodal blàth," agus a "mànran milis." Tha i eadhon iomlan na pearsa agus na nàdur.

"Cha 'n eil cron r'a àireamh ort,
O'd bhàrr gu sàil do bhròige.
Ach ciallach, fialaidh, fàbharach,
Air fiamh a ghàir an còmhnuidh."

Bha Donnachadh 'nuair a choinnich e ri Màiri, bochd na chrannchur ged bha ise an seilbh air crodh-laoigh air son a tochruidh. Dh' fheuch Donnachadh truagh ri leith-sgeul a bhochdainn a ghabhail, le bhì toirt seachad mar aobhar orra, deoch-làidir, bainnsean, tiodhlacan d'a leannan, agus eutromachd na h-òige. Ach cha robh feum air leith-sgeul. Bha aig Màiri Bhàn cridhe tuilleadh 's coimhneil agus nàdur tuilleadh is grinn gu bhì coimhead sìos air a fear gaoil a chionn gu'n robh e gun stòras, gun bheartas. Tha an t-oran uile, o thoiseach gu dheireadh, làn maise agus feudar coimhead air mar an t-òran is briagha agus is treibhdhriche a tha againn 'sa Ghaidhlig. Sin, mata, a bhàrdachd a tha an Gaidheal re iomadh bliadhna a seasamh agus a moladh an aghaidh gach sgèig agus tarchuis leis an robh i gu ruige so air a meas; agus a ta sinn a tagradh gu bheil againn ionmhasan litreachail a ta airidh air tìr nam beann. Tha spiorad na bàrdachd fathast beo 'nar measg, agus a nis 'nuair a ta iomadh duilgheadas leis an robh na seana bhàird mhiosail air an teannachadh a nis air an cur as an rathad, tha sinn a coimhead romhainn air son ath-ghineamhuinn fhior air a' bhàrdachd Ghàidhealach.

Deagh Theisteanas.

Bha duine ann am baile beag anns an t-seann dùthaich ris an canadh iad Uilleam Bàn, agus cha bu duine e air an robh deagh chliù no

moran meas. Ach aon samhradh a bha 'n sin thog e air gu dhol air imrich do dh' <eng>America<gai>. Fhuair e mach nach fhaigheadh e falbh mur toireadh na coimhearsnaich deagh theisteannas dha, agus chaidh e mu'n cuairt le paipear air son iad sin a thoirt dha. Bha na coimhearsnaich dho deònach e 'n duthaich fhagail 's gu'n d' thug iad fìor chliu air, gach aon 'na dhòigh fhéin. Cha do chuir am moladh a rinn iad air uiread ioghnaidh air duine 'sa chuir e air Uilleam Bàn fhéin, agus air dha an teisteannas a leughadh agus àireamh mhor ainmean ris, thuir e—"Ma ta, cha robh mi smaointeachadh gu robh mi cho measail so idir. Cha'n eil mi 'n dùil nach ann a dh' fhuiricheas mi far am bheil mi." Agus 'se fuireach a rinn e.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A MacGillios, Q. C., M. P.
Fear—Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear—ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir—Tagraidh, Comhairlichean Notairean &c
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear—Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

THA EARBSA
aig daoine ann am maidsichean Eddy—'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>—THE—
E. B. EDDY Co., Limited,

Hull, Canada.<gai>

[TD 288]

[Vol. 6. No. 36. p. 8]

Mo comhnuidh taobh an t-Sail'.

DE IAIN MAC PHAIDEIN, Ughdar an "Eileanaich."

Cha 'n fhuirich sruth ri bàta,
Cha 'n fhuirich là ri rìgh,
Na bliadhnachan ga 'r fàgail
A dh' aindeoin spàirn 'us strì;
Ach 's tric gheibh m' inntinn tlàths,
'S mo cridh' o fhuarachd blàths,
Ann an cuimhne caidir m-òige,
'S mo chòmhnuidh taobh an t-sàil',

Air iomadh uair 's mi 'm ònar,
Na 'n cròilein chi mi 'chlann,
Le greum air oirb an còtain.
A còmhachadh nan tonn,
A beadradh ris na still,
'Us còbhrag stoth na mill,
Gur a cuimhne caidir dhòmhsa
Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil'.

'N uair dhìrinn ris an stùcan,
O 'm faicinn lùb a chaoil,
O 'm biodh am bàta stiùradh,
'S i giùlan luchd mo ghaoil,
Le toradh cuain 'us àdh,
Gu 'm buannaicheadh i 'm bàdh,
Gur a cuimhne caidir dhòmhsa.
Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil'.

I tighinn ri fuaradh ealamh,
Fo iùil nan gallan suairc',
Air nach cuir geamhraidh ainneas,
Air nach cuir gaillionn fuachd,
Spriot o 'sròin na deann,
Ròlag gheal fo ceann,
Gur a cuimhne caidir dhòmhsa.
Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil'.

Be 'n solas còmhradh eagailt',
'S a chomhlan gheanail, ghrinn,
Bu taitneach sgeul o'n aithris,
No duan le caithream binn,
Toirt aileal dheth na bh' ann,
'O chian an tir nam beann,
Gur a cuimhne caidir dhòmhsa.

Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil'.

'N uair a thilgeadh beinn a duthar,
Air coill fo 'duilleach gorm,
Dé dh' fhàgadh m' inntinn dubhach,
Dé chuireadh mulad orm?
'S mo leannan caomh ri m' thaobh,
Leinn fhéin fo sgàil nan craobh,
Gur a cuimhne caidir dhomhsa.
Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil'.

Mar chuairt feadh chluan nan dìthean,
Tha chuimhn' do m' inntinn tlath,
Ged 's tric mo chridhe 'g innseadh,
Nach till sud ruinn gu bràth.
Mo bheannachd leis na bh' ann;
An tìr nan sruth 's nan gleann,
Gur a cuimhne caidir dhòmhsa.
Mo chòmhnuidh taobh an t-sàil'.

Faodar an t-òran so a sheinn ri fonn <eng>"Annie Laurie."<gai>

An Gille Dubh, Ciar-dhubh.

LEIS AN DOTAIR MAC LACHLUINN.

'S truagh nach robh mise,
'S an gille dubh ciar-dhubh;
An aodainn na beinne
Fo shilleadh nan siantan
An lagan beag fasaich,
'Nan aiteigin diamhair,
'S cha ghabh mi fear liath
'S e tighinn fo m' ùidh.

Dh' òlainn deoch-slàint',
A ghille dhuibh chiar-dhuibh
Do dh' uisge nan lòn,
Cho deònach 's ge b' fhion e,
Ged tha mi gun òr,
Tha ni 's leòr tigh'nn g' am iarraidh,
'S cha ghabh mi fear liath
'S e tighinn fo m' ùidh.

Mo ghille dubh bòidheach,
Ge gòrach le càch thu;
Dheanainn do phòsadh,
Gun deòin da do chàirdean;
Shiubhlainn leat fada,
Feadh lagan a's fhàsach,
'S cha ghabh mi fear liath,
'S tu tighinn fo m' ùidh.

Mo ghille dubh laghach,
'S neo-raghainn leam t-fhàgail,
Na 'm faicinn an cuideachd thu,
Thaghainn ro chàch thu;
Ged' fhaicinn cùig mìl,
Air chinnt gur tu b' fhearr leam,
Cha ghabhainn fear liath
'S tu tighinn fo m' ùidh.

'S luaineach mo chadal,
Bho mhadainn Di-ciadain
'S-bruileanach m' aigneadh,
Mur furtaich thu chiall mi.
'S mi raoir air dhroch leabaidh,
Cha'n fhad gus an liath mi,
'S an ghille dubh ciar-dhubh,
Tighinn fo m' ùidh.

Och! och! mar tha Mi.

Och! och! mar tha mi 's mi 'nam aonar,
A' dol troimh 'n choill far an rabh mi eòlach
Nach fhaigh mi àit' ann am fhearann dùchais,
Ged phàighean crùn air son leud mo bhròige.

Neo-bhinn an fhuaim leam a dhùisg á m' shuain mi,
'S e 'tigh'nn a nuas orra o chruaich na mòr-bheinn-
An ciobair Gallda, 's cha chòrd a chainnt rium,
E 'glaodhaich thall ri cù mall an dòlais.

Moch maduinn chéitein an àm dhomh éirigh,
Cha cheòl air gheugan, no geum air mòintich,
Ach sgreadail bhéisdean 's a chànain Bheurla,
Le coin 'gan éigheach 'cur féidh air fògar.

An uair a chi mi na beanntan àrda,
'S an fhearann àigh 'san robh Fionn a chòmhnuidh,
Cha 'n fhaic mi ann ach na caoraich bhàna,
'Us Goill gun àireamh 'sah-uile còdhail.

Na gleanntan ciatach 'sam faighteadh fiadhach,
'Us coin air iallan aig gillean òga,
Cha 'n fhaic thu 'n diugh ann ach ciobair stiallach,
'S gur duibhe 'mhiaran na sgiath na ròcais.

O, chaidh gach àbhaist a chur air fuadach;
Cha chluinn thu gruagach ri duan no òran;
Nach bochd an ni e gu 'n shearg ar n-uaislean,
'S na balaich shuarach 'nan àitean-còmhnuidh!

An uair a chi mi na lagain àluinn,
'S a h-uile h-àiridh 'dol fàs le còinnich,
Fo bhadain chaorach le'n uain 'gan àrach,

Cha 'n fhaod mi ràdhtainn nach b'fhàidhe Tòmas.

<eng>Grace Darling<gai>

Leth-cheud bliadhna 'sa h-ochd air ais, air an 7mh de <eng>September<gai>, shàbhail <eng>Grace Darling<gai> agus a h-athair, le 'n tréine, naodhnar dhaoine o bhi air am bàthadh. Tha 'n obair sin, sàbhaladh-beatha a dol air adhart fhathast, agus tha K. D. C. a' deanamh a chuid fhein. Is e bhi slàn an dòigh a's fhearr air son a bhi fìor shona.

Tha stamagan neo-fhallain a' deanamh dhachaidhean agus dhaoine mì-shona, ge b'e àite 'n faighear iad. Gheibhear cuideachadh, faochadh, agus leigheas do stamagan neo-fhallain ann an K. D. C. Feuch e. Tha e air a shàr-mholadh.

Tha <eng>K D C Pills<gai> anabarrach math air son tinneasan cuim.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI - - - C. B.

\$1.00 air 80c.
Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.
<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?
Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 289]

[Vol. 6. No. 37. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE 11 MART 1898. No. 37.

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

Thainig GILLEASBUIG, am mac bu shine aig a cheathramh Iarla, 'stigh an ait' athar. Tha e air a radh gu 'n robh e na dhuine aig an robh àrd-bhuadhan inntinn. Bha e 'na theachdaire rìgh an cuirt na Frainge anns a bhliadhna 1559. 'Nuair 'thainig Ban-rìgh Màiri air ais o'n Fhraing anns a bhliadhna 1561, bha Earraghael na bhall de 'n Chomhairle Uaignich aice. Mar bu trice, 's e taobh na ban-rìgh a bha e gabhail a measg gach aramach 'us ceannairc a bh' ann, riamh gus 'n do phòs i Bothwell. Sheas e n uair sin taobh na feadhach a ghabh cùram de 'n oighre òg, nach robh aig an àm ud ach na leanabh. Thug a bhan-rìgh suas an crùn an deigh cath Charber Hill, anns a bhliadhna 1567. Ach an deigh sin an uair a thuig Earraghael gu 'm 'ann ga h-aindeoin, 's nach b' ann idir ga deòin a rinn i sin, thug e ionnsuidh threun air a cur a ris na suidhe air a chathair rioghail. 'S e bu sheanailear air feachd na ban-rìgh an aghaidh armachd an Tainistear Muireigh an cath Langside, anns a bhliadhna 1568. Ach chaidh an là 'na aghaidh, agus b' eigin do 'n bhan-rìgh teicheadh do Shasuinn. An deigh mort Iarla Mhuireigh, 's e Iarla Lenocs bu Tainistear car ùine, agus na dheigh-san Iarla Mhar. Rinn Mar Earraghael na Ard-oifigeach cuirte <eng>(Lord High Chancellor), <gai> dreuchd anns 'n do chleachd 'se e fhéin le mor dhìchioll ann an toirt mun cuairt sith am measg maithean Alba, ni anns an robh tomhas maith do shoirbheachadh aige. Bha e pòsda da uair: an toiseach ri nighean neo-dhligheach a bh' aig Rìgh Seumas V., agus a ris ri nighean Iarla Ghlencairn; ach cha d' fhag e sliochd. Chaochail e anns a bhliadhna 1575. Thainig a bhràthair,

CAILEAN, thun na h-oighreachd 'na àite. B' esan an siathamh Iarla. Bhuineadh an tiodal, Iarla Bhuchain, da mu 'n d' fhuair e oighreachd Earraghaeil. Bha mor chùram aige do 'n Phrionns' òg, oighre chrùn, agus bha e fhein agus maithean eile iarrtanach air gum faigheadh e foghlum a bhiodh freagarrach air son 'inbhe mar phrionnsa rioghail. Chuir iad e mar sin fo chùram an duine ainmeil agus an ard-sgoilear sin Seòras Buchanan mar oid'-ionnsuich. 'Nuair thainig Rìgh Seumas gu fearachas cha d' dhi-chuimhnich e do Earraghael gach caoimhneas a fhuair e uaithe ann an laithean oige. 'Nuair a fhuair e riaghladh na rioghachd na laimh fhein ghabh 'se e a stigh do 'n Chomhairle Uaignich, agus, bliadhna no dha an deigh sin, shuidhich 'se e na Ard-oifigeach Cuirte, dreuchd a bha aige gu àm a bhàis. Bha e posda da uair: an toiseach ri ban-Stiubhartaich, nighean Morair Methbhen, ach cha d' fhag i clann aige. Bha e 'n dara uair posda ri bantrach Sheumais, Iarla Mhuirigh, an Tainistear, bho 'n robh dithis mhac aige, Gilleasbuig an t-oighre, agus an Ridire Cailean Caimbeul, na

Lundi. Chaochail an seathamh Iarla anns a bhliadhna 1584.

Thainig GILLEASBUIG a mhac, na aite mar an seachdamh Iarla. Bha esan na sha shaighdear agus na iochdaran dileas do Rìgh Seumas. Bha e air a chur as leith na Morairean Huntli, Angus agus Errol, gu 'n robh iad ag ullachadh gu eirigh ann an ceannairc an aghaidh an rìgh gu 'n robh Rìgh na Spainne ga'm brosnachadh air aghaidh anns a chuis so. Chaidh a chuis a rannsachadh agus fhuaradh ciontach iad do ard-fhoill. Chaidh an sin Earraghael agus Morair Forbes a chur le armachd air son an cur a mach as an cuid oighreachdan. Tha e air a radh nach robh toil aig Earraghael lamh idir a chur san obair so, ach nach duraiceadh e an rìgh a dhiultadh. Gheall an rìgh dha na bha de dh' fhearann aig Huntli an Loch-abar mar dhuais air son a shaothrach. Rinn Huntli 'us cach gach dichìoll air iad fhein a dhion. Thainig Earraghael orra le seachd mìle saighdear, a measg an robh, a bharrachd air a chinneadh fhein, Cloinn Illeain agus muinntir eile as na h-eileanan an iar. Bha na saighdearan so air an armachadh, cuid le gunnathan, cuid le boghachan-saighead, cuid le claidhnean, agus cuid le tuaghan Abrach. 'S e marc-shluagh a bh' aig Huntli cha mhor air fad, agus, a thuilleadh air sin, bha sia gunnacha mora aige leis an d' rinn e droch sgath. Ach 'nuair bha na h-eich suas aodann a chnuic air an robh feachd Earraghael air an tarrainn a mach, thug na h-Earraghaelich 's na h-eileanaich rotach gharbh sìos uca ga 'n cur a measg a cheile gu h-olc, 's a cur iomadh fear ri làr. Ach a thaoch 's nach robh spicean aca gu iad fhein a dhian o na h-eich b' fheudar dhaibh an ruaig a ghabhail. Sheas am batal mu dha uair. 'S e cath Ghlinnlibhet a theirear ris. Bha so anns a bhliadhna 1594. An deigh so dh' fhag Huntli agus a chompanaich an dùthaich. Anns a bhliadhna 1603 bha Gilleasbuig a cogadh ris na Griogaraich, agus anns a bhliadhna 1614 ris na Domhnallaich. Ann an 1617 fhuair e coir o'n rìgh, air Cinntire. (Tha Cinntire aig 'na Caimbeulaich o'n uair sin). Chuir e seachad àireamh bhliadhnaichean an seirbheis rìgh na Spàine. Chaochail e an Lunnainn anns a bhliadhna 1638. Bha e pòsda da uair; an toiseach ri nighean Iarla Mhorton, bho 'n robh mac aige, Gilleasbuig an t-ochdamh Iarla, agus ceathrar nighean. Bha e rithist pòsda ri ban-Sasunnach, bho 'n robh mac agus nighean aige.

(Ri leantuinn.)

Facail a Loch Ainslie.

A CHARAID:—Bho'n tha mi gun mhoran agam ri dheanmh an dràst tha mi cur g' ad ionnsuidh beagan naidheachdan bho'n chearn so dhe'n dùthaich.

Chaidh each fiachail le fear MacIlleathain a mhuinntir Amhuinn Mhargaree a bhàthadh anns an Loch faisg air bun na h-Aimhne an là roimhe. Bha e air falbh air turus aig balach nach robh eolach air an deigh. Bu choir do dhaoine 'bhi na b' faiceallaiche mu 'n deigh na tha iad.

Tha a mhuillein sabhaidh a bha na tamh an so fad a gheamhraidh a nis

air toiseachadh air obair a ris, agus a reir coltais b' fheaird i an fhois a fhuair i re na h-ùine sin.

Tha obair na h-olla a dol air adhart gu làidir agus tha sin a deanamh feum mor do 'n choimhearsnachd. Iadsan nach eil ag obair air an <eng>derrick<gai> tha iad a deanamh connaidh air son an <eng>engine<gai> a tha gu tighinn an ùine ghoirid.

Bha réis each ac' an so Di-ciaduin, ach leis gu'n robh an latha cho stoirmeil cha do dh' fhiach ach dithis-each le Iomhar Caimbeul, a Scotsville, agus each le fear Johnson a mhuinnttir Nobha Scotia. 'Se each a Chaimbeulaich a ghleidh.

Tha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil Ailean MacAoidh a bha tinn fad a gheamhraidh a dol beagan am feabhas. Ged tha an geamhradh briagha, tha moran de thinneas 'san aite.

Slàn leat an dràst. Is mi do charaid,

AN GILLE DONN.
Màrt 4., 1898.

Cha'n eil aig na <eng>Liberals<gai> ann am pàrlamaid ùr Ontario ach aon duine bharrachd air na tha innte de luchd-pairtidhean eile.

[TD 290]

[Vol. 6. No. 37. p. 2]

Cia mar a Chumar a Ghaidhlig Beo.

LE IAIN MAC PHAIDEIN, GLASCHU.

(Air a leantuinn.)

“'Bhi ga h-eisdeachd, ga labhairt, 's ga seinn,
Ga leugh 's ga cleachdadh ri 'r cloinn.”

A nis, ma ta, tòisichidh sinn anns an sgoil, agus anns a cheud dol a mach, gu 'm bi e air a dhaingneachadh ann an lagh, 's ann an riaghailtean na sgoiltean, gu feum a h-uile neach a tha 'g iarraidh gu bhi na mhaighstir sgoil, ann an sgìreachd Ghaidhealach, a nochdadh gu bheil Gaidhlig aige; agus gu bheil e comasach air a teagasg. Biodh seachd cànainean eile aige ma thogras e, ach ged a bhiodh seachd-deug aige, 's e gun Ghaidhlig, cuir na coin ris thar na crìche. Agus aon uair 's gu 'm faic thu gu bheil a maighstir sgoil comasach air Gaidhlig a theagasg, an sin thoir duais do na h-uile neach a thoilleanas e, a's fearr a dh' ionnsaicheas i, ann a bhi ga leughadh, ga h-aithris, ga sgriobhadh, no ni sam bith eile a ghabh as deanadh innte, a tòiseachadh aig an leanaban a's òige, gus an ruig thu a mhaighdean no 'n t-òganach a tha deas gus an sgoil fhàgail.”

“Ach c’aite ’bheil thu dol a dh’ fhaotainn nan duaisean Alasdair, ’s gann gu’n iarradh tu fein, gu ’m biodh an rioghachd air càin a chuir oirre, air son duaisean a thoirt do chloinn, a chionn iad a bhi na sgoileirean math Gaidhlig.” “C’aite ’bheil thu faotainn nan duaisean, a Dhùghail, no na càin ma thogras tu, a tha cheana a dol a thoirt sgoil agus oilean do chlann na rioghachd, tha an iompaireachd ma thogras tu, cho fada ann an comaine a Ghaidheal ’sa tha i ann an comaine an t-Sasunnaich, an Eireannaich, an Innseinich, no neach, no sluagh, no cinneach eile, taobh a stigh da crìochan; o’n a’s e a h-uair nach laigh a ghrian oirre, cuimhnicheadh i gur iomadh boinne deth dh’ fhalus, agus deth dh’ fhuil a chaill an Ghaidheal ga cuir am farsuingeachd. Ach tha ioma dòigh air an gabh na bheir duaisean seachad faotainn, gun dol a chuir càin air neach sam bith ach na ’s miann leis fein a chuir chum an aobhar sin. Chuireadh e ioghnadh ort, gu de na duaisean a ghabhadh toirt do chloinn anns a’ Ghaidhealtachd, leis na bheil sinn a cost gu ar coire, ann an aon seachdain deth ’n bhliadhna. Tha seanfhacal eile a tigh’n a stigh an so moran ni ’s firinniche na ’n t-aon a thuirt thusa, ’se sin, ‘Nithear càrn mor deth chlachan beaga,’ agus a bharrachd air a sin, dh’ fhaodadh cùisean eile a dh’ aimnicheas mi, a bhi air atharrachadh seach mar a tha iad. ’Se tha miciallachadh, gu bheil Gaidheil air uairean a dianadh am fortain anns an t-saoghal so, cosmhail ri daoine eile, agus a rithist dìreach mar dhaoine eile feumaidh iad an saoghal so fhagail, agus am fortan fhagail anns an t-saoghal, far an d’ fhuair iad e. A nis chi sinn am bitheantas anns na paipeirean mu dheighinn nan dileab a dh’ fhag na daoine sin,; chi sinn tromlach na codach a dol gu càirdean agus luchd-daimh, agus tha sin ceart gu leoir, ’se mo bharrail. An sin chi thu dorlach cheud a dol an sid, agus tri mìle dol an so, tri puinnnd Shasunnach a dol gu minisdeir sgìreachd anns a Ghaidhealtachd; an sgìreachd anns an d’ rugadh am fear nach maireann; gu bhi air a roinn ann am min air na bochdan. Agus ged nach eil ni agamsa an aghaidh an aiteannan a fhuair na mìltean ga ’m faotainn, ’s math leam ac’ e, ’s math an airidh air iad; ach tha dìreach rud beag tuilleadh ’sa chòir deth dh’ eadar-dhealachadh eadar tri mìle agus tri puinnnd Shasunnach. Ach nach do dhi-chuimhnich am buidileir Iosaph? ach air a shon sin, fhuair Iosaph á sas an deigh a h-uile rud a bh’ ann. A nis o’n a tha ’n ath doigh air an robh mi fada breanachadh air a toirt suas cheana leis a Chomunn Ghaidhealach aig a Mhòd bhliadhna, cha ruig mi leas dad a radh uimpe, mar a h-abair mi ris a Chomunn fein, mar thuirt am bodach ri mhac, ‘’S òg d’ iomairt!’ agus faodar a chuimhneachadh, gu ’n robh a mac fein deich agus tri fichead bliadhna a dh’ aois ’n uair a labhradh na briathran ud ris, agus ma bhios an Comunn daonna a dol am feabhas mar a tha iad o’n a thòisich iad, gus a ruig iad an aois a rainig am mac ud, faodaidh iad obair mhor a dheanadh; ach thugadh am fear a tha na sheasaibh an aire, gun fhios nach tuit e, tha na buairidhean laidir agus lionar air gach taobh do ’n Chomunn. Tha Comunn an deigh Comunn ga ’n cuir air bhonn o chionn corr agus deich bliadhna fichead; ’se Gaidhlig agus a bhi Gàidhealach ‘Crìoch àraid gach Comuinn,’ a Ghaidhlig agus a litreachas air toiseach a’ chlàir innsidh, an t-àite-suidhe urramach ri bhi aice aig gach còmhail a bhios aig a Chomunn, ach ma theid thu dh’ ionnsaidh nan coinneimhean aca, chi thu gu ’n d’ fhuair an t-seana bhean an t-àite

suidhe a's fhaisge air an dorus, agus na cuireadh e iognadh sam bith ort, ged a chi thu gu 'n d' fhuair i taobh a muigh an doruis uile gu leir. Agus o'n as e sin doigh nan seann Chomunn, tha e gle chunnartach gu 'm faod an Comunn òg tuiteam ann am buaireadh, a chionn 'se 'm fìor cheatharnach—cha 'n e a fear a thogas a dhòrn 'sa bhuaileas fear eile, agus a leagas e dheanadh seann làir bhàn sin le 'cois—ach se'm fìor cheatharnach, an neach sin a shlaodas e fein á clàbar làthaich an droch cleachdaidh. Ach co dhiu tha aon bhuidheann beag eile 'n ar measg do 'n d' thugainn tuille misnich agus duais cuideachd: 'siad sin clann a tha air an àrach ann am bailtean mora far nach eil a bheag deth Ghaidhlig air a chluinntinn." "'S iad clann pharantan Ghaidhealach a tha air an togail am bailtean mora na h-airde deas a bhios tu ciallachadh, Alasdair." Cha 'n eil teagaibh nach e clan pharantan Ghaidhealach a bhios anns a mhor chuid dhiu, ach ged a bhiodh am pàrantan Innseinich, agus an craiceann fein cho dubh ri foid mòna, bheirinn an duais dhoibh nan toilleadh iad i; cha 'n e tha mi ciallachadh, gu 'm biodh iad air am feuchainn ann an sgriobhadh no ann an leughadh ach ann an réidh sheanachas 'n uair a rachadh gairm orra ann an làthair na muinntir sin a bha ri breath a thoirt orra." "Faodadh tusa a bhi bruidhinn Alasdair, agus bi tu ann an sin de sam bith de theirear riut air an atharrachadh, ach cha 'n eil mise faicinn de math mor a tha e dol a dheanadh dhuinn a bhi cumail cuimhne air rannachd 'us seann sgeulachdan, obair bhàrd, 'us bhuchailleann 'us daoine diomhain eile a b' abhaist a bhi siubhal nan gleann 's nan cnoc an deigh treud agus iad a deanadh dia deth 'n treud a bh' ann a sin; na leughadh daoine am biobull, agus an aire thoirt air an gnothach, se moran a b' fhearr dhoibh, na bhi dol air boil an dràs' sa rithisd an deigh nithean ùr, agus 'n uair nach faic iad rud ùr ni iad rud ùr deth 'n t-seann rud." "Dian thusa rud beag air do shocair, a Dhùghaill; an àm dhuit a bhi faodainn air d' each thoir an aire nach d' theid thu thairis air, na bàird, na buachailleann 's na daoine diomhain sin, mu 'n robh thu labhairt agus mar a thuirt thu, a bha deanadh dia deth 'n treud a bha fo 'n cùram, nach b'e 'n treud sin an cuid deth'n t-saoghal, agus an teachd—antir; agus am bheil thu smaointinn gu 'n robh iad a deanadh dia deth 'n treud ni 's mo na tha sinne a deanadh air an latha 'n diugh, deth cheaird no deth ghnothach eile, troimh 'm bheil sinn a faotainn ar beolaind, no ar beairteas. Co dhiu se sin a bhi leagha geire, a bleath chnàmh, no toinneibh tombaca; agus na 'm bi tusa leughadh a bhìobuill mar a tha thu a comhairleachadh do dhaoin' eile bhi deanaibh chitheadh tu 'n uair a dh' iarradh air an Ti sin aig a bheil an t-sùil uile léirsinnich, neach a thaoghadh gu chuir na righ air a shluagh taoghte fein; gur h-e 'm bàrd agus am buachaille a thaogh e chum na dreuch. Cha 'n eil an t-Uile chumhachdach glaiste eadar da chlàr a bhìobuill, ged is taisbeanadh air e, 's biobull fosgailte aghaidh na cruinne gu leir. Ach tha mi cosmhuil ri balach beag a rachadh a chuir air thuras, ged dh'iarrte air cabhag a dheanadh, rachadh e thar an rathaid—mhoir a h-uile uair a chitheadh e tom-smiar. Ach co-dhiu, dh' ainmich mi dòigh na dha, a chuidicheas gus a' Ghaidhlig a chumail beo, slàn, agus tha iomadh doigh eil ann nach d' ainmich mi idir. Agus ged nach laigh a ghrian ud shuas an nochd orrasan uile leis an caomh i, 's ged a sgaoileas i a meanglain ni 's faidhe na rinn e riamh, ma chailleas i a bun, agus a freumhan a th' ann an Gaidhealtachd na h-Alba, cha 'n eil e nadarra, gu 'n

sgaoil na geugan ni 's faide. A chionn mar thuir mi anns an dol a mach, tha e agam air ughdarras, anns nach urrainn sinn teagamh a chur, gu'm bheil comh-chordadh sonraichte eadar cànan agus an dùthaich do an cànan i, agus mar dhearbhadh air a sin, cha 'n eil neach aig a bheil cluas, mu 's fhiach i cluas a radh rithe, nach d' thoir

[TD 291]

[Vol. 6. No. 37. p. 3]

fuaim na Gaidhlig na chuimhne sàmhchair bheannaichte nan gleann; 'n uair a tha i tighinn ann an rèidh sheanachas, o neach ri caraid, neach gaoil no daimh; tha i gu ciùin, maoth, tlusmhor mar cronan nan allt, le dranndan caoin, 's le dùrdan milis troimh na cluaineagan fraoich. Mar oiteag chiùin na h-oidhche bhath, 'san òg shamhradh 's i luchdaichte le toradh, 's a siubhal gu seamh troimh 'n doire, 'sa cuir duilleach beò nan geug dosrach, gu seinn mar chòisir chiùil. No ma tha i tighinn ann am mòrachd eallantais a suas, o bhilean an ùr-labhraiche, am feadh 'sa tha chridhe làn, 'sa cuir thairis deth 'n chuspair a tha e sparradh air a luchd éisdeachd; tha i 'n sin mar dhoinneann nam beann a bualadh ri aodann na stallachan borb, mar fhuaim ruagh-thuil na meallan, troimh 'n ghleann san amhain fo cirean, a sguabadh a bruach, 'sa spionadh nam preas, a tha i giùbhlan, a dannsadh air a broileach gu cuan.

'Nis cuim gu leigeadh Albainn bàs,
A cànan àluinn shaor,
'Sa liughad uair 'sa theich an nàmh,
Roimh iolach àrd nan laoch.
Do 'n ionnsaich i, o'n òig' air tùs,
Le teagasg, 's grunn a rann.
Nach faiceadh eascaraid an cùl
Aon uair 's gu 'n rùisgte 'n lann.
Co chainnt a's guamaiche na beus,
A freagairt gleus nam pong,
Gu gaol na h-òige 'chuir an ceill
An duanag réidh le fonn?
Co chainnt is drùidiche na càch
Bheir deòir 'us fasnadh shùl,
A brùchdadh anam' aig Cathair gràis
An làthair Rìgh-nan-diul?

(A' chrìoch.)

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. IX.

An uair a bha mi 'smaointean gu 'n robh am bàs dlùth dhomh, chuala

mi bhith 'togail na cloiche bhar beul na h-uamha, agus anns a' mhionaid leigeadh sios corp firionnaich. An uair a bhios daoine 'nan eiginn tha e nadarra gu leor dhaibh oidhirp a thoirt air nithean a dheanamh nach eil aon chuid ceart no cothromach. An uair a leigeadh sios a' bhean, chaidh mi far an robh a chiste anns an robh i, agus cho luath 's a thug mi an aire gu'n do chuireadh a' chlach air beul an tuill, thug mi dha no tri de bhuillean matha do 'n truaghan bhochd anns a' cheann le cnaimh mor a bha faisg air mo laimh, agus ghrad mharbh mi i. Rinn mi an gnìomh cruaidh chridheach so a chum gu 'm faighinn greim air am aran 's air an uisge a bh' anns a chiste maille rithe, agus mar so bha agam de bhiadh na chum beo mi fad beagan laithean. Mu'n am 's an do theirig am biadh so dhomh, leigeadh sios boirionnach marbh agus firionnach beo. Mharbh mi esan mar an ceudna. Gu fortanach dhomhsa, bha moran a' basachadh anns a' bhaile aig an am, agus bha mi 'faotainn de bhiadh air an saillibh na bha 'gam chumail beo.

Air latha araidh chuala mi coiseachd agus seideil faisg orm. Ghabh mi far an robh mi 'cluinntinn fuaim na coiseachd; ach an uair a thainig mi dluth do 'n chreutair a bh' ann, theich e air falbh 's e seideil na bu chruaidhe na bha e riamh. Lean mi e cho math 's a leigeadh an dorcha leam. Stadadh e an drasta 's a rithist; ach an uair a dh' fhairicheadh e mi 'tighinndluth dha, theicheadh e air falbh. Bha mi 'g a shior leantuinn gus mu dheireach an d' thug mi an aire do runnag sholuis. Rinn mi dìreach air an t-solus. Uair a bhiodh e 'nam shealladh, agus uair nach bitheadh. Mu dheireadh an uair a thainig mi dluth dha, rinn mi 'mach gur ann troimh tholl a bh' anns a chreig a' bha e tighinn. Bha 'n toll cho mor 's gu 'n rachadh duine 'mach troimhe socair gu leor.

Stad mi aig beul an tuill a leigeadh manalach, oir bha mi air mo chlaoidh gu mor. 'Na dheigh sin chaidh mi 'mach air an toll, agus ciod a b' iongantach leam na mi fhein 'fhaotainn air bruaich a' chladaich. Bha aoibhneas do-labhairt orm. Is gann gu'm b' urrainn mi a chreidsinn nach e brudair a bha mi 'faicinn. Ach an uair a thug mi cuisean fa near, agus a dh' aithnich mi gu 'n robh mi saor o 'n chunnart anns an robh mi, thuig mi gur e an creutair a bha mi 'leantuinn, creutair a bha tighinn as a' chuan, agus a bha 'dol a steach do'n toll a dh' itheadh cuirp nan daoine marbha.

An uair a ghabh mi beachd air a bheinn, thuig mi gu'n robh i eadar a mhuir agus am baile. Bha 'n cladach cho cas mor-thimchioll orm 's nach robh e 'n comas dhomh air chor sam bith faighinn as an aite 's an robh mi. Leig mi mi-fhein air mo ghluinean far an robh mi, agus thug mi taing do Dhia air son a throcair. 'Na dheigh sin thill mi steach do 'n toll a dh' iarraidh an arain 's an uisge a dh' fhag mi ann. Dh' ith mi biadh le barrachd toil agus tlachd na rinn mi o 'n latha 'chuireadh anns an t-slochd mi.

Thill mi rithist a steach do 'n t-slochd, agus ged nach robh runnag sholuis agam, chruinnich mi am measg nan cisteachan-laidhe moran de dhaoimein 's de sheudan 's de chlachan-luachmhor 's de gach ni eile bu luachmhoire na cheile a thachair rium. Phaisg mi na nithean so gu curamach ann an aodach a fhuair mi am measg nan corp, agus cheangail

mi iad gu teann cruaidh leis na cuird leis am biodh iad a' leigeadh sios nan cisteachan do 'n t-slochd. Chuir mi iad air bruaich a chladaich, agus bha mi 'feitheamh feuch an tigeadh long an rathad a bheireadh air falbh mi.

An ceann da latha chunnaic mi long a' tighinn a mach as an acarsaid. O 'n a bha 'n soirbheas car 'nan aghaidh, b' eiginn dhaibh a bhi beiteadh. Uair dhe na h-uairean thainig iad cho dluth air an aite anns an robh mi 's gu'n do mhothaich iad dhomh a' glaodhaich 's a' smeideadh orra. Ghrad chuir an sgiobair bata 'g am iarraidh Thuirt mi ri sgiobadh a' bhata gu 'n do bhristeadh an long air an robh mi beagan laithean roimhe-sid, agus gu'n deachaidh agam air mi fhein agus am bathar 'a shabhaladh. Gu fortanach cha do chuir iad teagamh sam bith anns na thuirt mi riutha; agus gun dail sam bith thug iad gu bord na luinge mi. An uair a chaidh mi air bord, bha 'n sgiobair gle thoilichte gu 'n do shabhail e mi; agus o 'n a bha 'inntinn suidhichte air a ghnothuichean fhein, cha do chuir e teagamh nach robh na dh' innis mi dha na seoladairean agus dha fhein fìor gu leor. Ged a thairg mi dha cuid dhe na seudan a bh' agam, cha ghabhadh e iad.

Sheol sinn seachad air caochladh eileanan. Is e Eilean nan Glag a theirear ri aon dhe na h-eileanan so. Tha e mu astar deich laithean seolaidh o Cheidhlon, agus mu astar shia laithean o Chalabar, far an deachaidh sinn air tìr. Tha mein luaidhe, craobhan siucair, agus camfor anns an aite so.

Tha rìgh Chalabair 'na rìgh saoi bhir, cumhachdach, agus tha Eilean nan Glag fo 'riaghladh. Tha 'n luchd-aiteachaidh 'nan sluagh anabarrach fiadhaich, agus bidh iad ag itheadh nan daoine. An uair a rinn sinn reic is ceannach anns an eilean so, sheol sinn, agus thaghail sinn ann an caochladh bhailtean puirt eile. Mu dheireadh rainig mi Bagdad agus saoi bhreas mor agam. Cha ruig mi leas mion-chunntas a thoirt dhuibh m' a dheidhinn.

Mar chomharradh air mo thaingeachd do Dhia air son a throcairean, thug mi earrann mhath dhe m' mhaoin seachad a chum na bochdan a bheathachadh, agus taighean-aoraidh a chumail suas; agus bha mi cur seachad na h-uine le subhachas maile ri m' theaghlach agus am measg mo chairdean

An uair a chuir Sindbad crìoch air eachdraidh a cheathramh turuis a ghabh e, dh' aidich a chuideachd gu leir gur i a b' iongantach gu mor na eachdraidh na'n trì tursan eile. Thug e ceud bonn oir do Hindbad, agus dh' iarr e air tighinn an la-iar namhaireach aig an uair ghnathaichte, gus a dhinneir a ghabhail comhladh ris, a chum gu 'n innseadh e mar a thachair dha air a choigeamh turus a dh' fhalbh e a sheoladh. Ghabh Hindbad agus na h-aoidhean eile an cead dheth, agus dh' fhalbh iad.

Air an ath latha thainig iad aig an am dhineireach, agus an uair a bha 'n dinnear seachad, thoisich Sindbad ri cunntas a thoirt dhaibh air mar a thachair dha air a' choigeamh turus a dh' fhalbh e sheoladh:-

“Chuir gach solas agus toil-inntinn a bha mi 'mealtuinn as mo chuimhne moran dhe na trioblaidean agus dhe 'n mhi-fhortan troimh 'n deachaidh mi, agus mar sin, bha mi cho toileach 's a bha mi riamh gu falbh a rithist a sheoladh. Cheannaich mi bathar gu leor, agus an uair a chuireadh air deigh e, dh' fhalbh mi leis do 'n bhaile-puirt, bu deise dhomh long a bhith agam dhomh fhein a chum nach bithinn ann an eisiomail sgiobair sam bith. Dh' fhan mi anns a' bhaile

(Air a leantuinn air taobh 264.)

[TD 292]

[Vol. 6. No. 37. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 11 MART, 1898.

<eng>AFRICA.<gai>

An uair a chiosnaich na Breatunnaich Arabi aig <eng>Tel-el-Cebir<gai>, chuir iad Baring, d' an ainm a nis am Morair Cromar, mar uachdaran thar tir na h-Eiphit. Is e gu cinnteach, duine fuasach glic, cumhachdach, gasda a tha ann an Cromar. Is maith agus is ro-mhaith a fhuaradh e ann an saorsa, 's soirbheachadh, 'us ceartas fhaotuinn agus aisig air ais do na h-Eiphitich bhochda 'bha air am pronnadh re iomadh ginealach fo chasan ardanach, an-iochdmhor nam <eng>Pashas<gai>. Is gann a's urrainn duinn a chreidsinn gu robh e comasach do Chromar teoma, duineil, seasmhach-ged tha e an tomhas iongantach-atharrachadh co mor agus co maith a dheanamh anns gach cuis, 'us lagh, 'us àbhaist a bhuineas do 'n Eiphit. Is ann an aghaidh moran stri 'us diulghaid, a chaidh aige air fortain aghmhor

a chosnadh do 'n Eiphit. Bhitheadh e 'na ni gasda do 'n Chedibhe 's do luchd-comhairle uaibhreach, nam b' urrainn iad crìoch a chur air ughdarras Chromair agus Bhreatuinn, agus dol air an ais gus na h-abhaistean mosach, bruideil a nochd, agus a chleachd luchd-leanmhuinn Mhahomaid, ann an riaghladh na h-Eiphit. Dh' innis Cromar uair no dha do na daoine' feineil, iargalta so, gu cuireadh e iad fein agus an Chedibhe maille riu, as an dùthaich gu buileach, mur fanadh iad samhach, agus mur tugadh iad aire cheart, churamach doibh fein. Is ann aig Cromar, -ciuin, glic, laidir mar tha e, -'tha an t-ughdarras a's modha anns an dùthaich gu leir. Agus c'arson nach bitheadh a' chumhachd a's airde aig Cromar, a' seasamh mar tha e, ann an àite 's ann an ainm Bhreatuinn? Nach e fuil, 'us feachd, 'us ionmhas Bhreatuinn a choisinn saorsa do 'n Eiphit ann an latha muladach a h-airc? Gu de 'rinn Frangaich no Gearmailtich airson na h-Eiphit, am feadh a bha i gun treoir, gun bheatha, gun dochas? Tha rioghachdan na Roinn-Eorpa 'n an ceap-tuislich do Chromar anns gach gnìomh a tha e 'deanamh le cridhe togarrach, onorach anns an Eiphit. Tha iad an drasd' agus a rithist a' glaodhach a mach c'uin a tha Breatunn 'dol a dh' fhagail na h-Eiphit? Feumaidh na Breatunnaich ann an uine ghearr an tìr ud fhagail. Tha ann am Breatunn fein daoine amaideach a bhitheas a' togail na ceisde cheudna. Cha 'n eil cabhag air bith air luchd-riaghlaidh Bhreatuinn tìr na h-Eiphit a threigsinn. Is e 'tha 'n am beachd gu fan iad gu brath anns an Eiphit, agus gu teid iad air an aghaidh le comhnadh Chromair agus iomadh seirbhisich ealanta, tapaidh eile, ann an tuille sith, 'us sonais, agus beannachaidh a bhuileachadh air na h-Eiphitich. Tha 'n tìr aosmhor so 'fas laidir agus beartach. Tha claisean ùra air an cladhach trid am bheil e comasach feum a's modha 's a's fearr a dheanamh de leasachadh pailt na h-Aimhne Nile. Cha robh riamh barrachd daoine 'gabhail comhnuidh anns an Eiphit, agus cha robh soirbheachadh 'us gnothuich na dùthcha ann an uidheam a's fearr o'n bha Ioseph 'na uachdaran anns an tìr.

Bhuineadh roinnean farsuing a tha mu thuath de 'n Eiphit dìse, anns na bliadhnachan a chaidh seachad. Rinn na daoine borba, fiadhaich a tha 'g aiteachadh nan ionadan ud, aramach eagalach ann an laithean Arabi. Chaidh an ceann-feadhna iomraiteach <eng>Gordon<gai>, le cead 'us ughdarras Bhreatuinn gu Cartoum, a chum 's gu cuireadh e crìoch air aramach an t-Soudain. Cha do shoirbhich leis, ged bha e gaisgeil, aghartach, curanta. Cha tug Gladstone comhnadh dha ann an àm, agus air an aobhar so, chaidh an ceannard mor, foghainteach a chur gu bas leis a' Mhahdi 's a shaighdearan borba. Tha Cromar agus feachd na h-Eiphit 'us saighdearan 'us ceannardan Breatunnach a' toirt buaidh an deigh buaidh anns na Roinnean a tha mu thuath de 'n Eiphit. Is e Citchener, Eirionnach easgaidh, calm', treubhach, a tha air ceann an fheachd; agus da rìreadh, tha gach ni 'cinntinn leis gu h-aluinn. Cha 'n fhada gus am bi suaicheantas na h-Eiphit agus Bhreatuinn a' crathadh anns an t-soirbheas fo bheul na <eng>Nile<gai> gu ruig nan lochan far am bheil tus a turuis. Tha dochas laidir agam fein gu bheil beachd nan daoine ceart a tha 'cumail a mach gu bi ann an uine ghearr coir 'us sealbh aig Breatunn air a h-uile ceum de 'n astar a tha eadar an Eiphit agus ceann mu dheas <eng>AFRICA.<gai> Cha 'n ann gun dragh 'us iomaguin a tha seirbhisich arda Bhreatuinn cosmhuil ri Cromar 'us Citchener, a

ciosnachadh gach nàmhaid beag 'us moir a tha cur grabaidh orra, 's a feuchainn ri stad a chur gu buileach air an obair chneasda, laghach, a tha Breatunn a' deanamh am measg gach fine buirb 'us laig a tha 'tighinn fo sgiath leathunn, chaoimhneil, onorach Bhreatuinn, air feadh an t-saoghail gu h-iomlan.

CONA.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n ell stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgriobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 293]

[Vol. 6. No. 37. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh eaglais Chaitliceach a b' fhiach da fhichead mìle dolair 'sa dha a losgadh o chionn ghoirid ann am Megantic, am mor-roinn Chuibeic.

Tha 'n coithional Cléireach ann an Sidni Tuath a' dol a thoiseachadh air eaglais ùr a thogail. Bha iad gu math feumach oirre; oir tha an eaglais anns am bheil iad ag aoradh air fàs gle shean.

Bha an sneachda 'cur deagh mor air na ròidean-iaruinn air feadh <eng>New Brunswick,<gai> Cuibeic, agus an corra àite air feadh Nobha Scotia us Eilean a' Phrionnsa cuideachd. Tha an sneachda anabarrach domhain ann an Cuibeic. Bha aig na daoine ri obrachadh gle chruaidh gus an rathad a chumail réidh.

Shil dòrlach math sneachda aon oidhche deireadh na seachdain s'a chaidh, ach rinn a' ghrian a' chuid bu mhotha dheth a leaghadh an ath latha. Cha mhair an sneachda a shileas mu'n àm so 'n bhliadhna ach ùine gle ghoirid. Tha na ròidean a' fàs dona, agus 'se 's coltaiche nach bi iad na's fhearr gus am falbh an sneachda gu buileach.

Bliadhnaichean roimhe so, b' àbhaist a bhi toirt moran feòir do Cheap Breatunn, oir cha mhor earrach nach biodh am feur gann. Ach am bliadhna, cha'n e mhàin nach eil na tuathanaich a' ceannach feòir, ach tha roinn mhor aca ri chreic. Tha na ceudan tunna ann am Baddeck deiseil gu bhi air a chur air falbh gu margadh. Bha barr anabarrach math feòir ann am Baddeck Mhor, agus air an Amhuinn Mheadhonaich air an fhoghar s'a chaidh.

Chaidh soitheach d' am b' ainm an <eng>Asia<gai> a long-bhristeadh o chionn ghoirid air sgeirean Nantucket faisg air Boston. Bha duine air fhichead air bòrd, agus cha do shabhaileadh ach a triùir. Am measg na chaidh a chall bha an caiptean, a bhean, 'sa nighean, aois dheich bhliadhna. Bha an soitheach a tigh'nn á Manilla gu Boston, agus bha i gle fhaisg air a ceann-uidhe 'nuair a chaidh a bristeadh. Bha an caiptean a' cur roimhe 'nuair a gheibheadh e dhachaidh nach rachadh e dh' ionnsuidh na mara tuilleadh.

Thuit sneachda trom ann am Montreal o chionn ghoirid, agus b' fheudar da cheud deug duine a chur a dh' obair air mu 'n d' fhuaireadh na sràidean a ghlanadh. Beagan lathaichean an deigh sin-toiseach na seachdain s'a chaidh-thuit meal mor eile, agus cha robh fhios aig luchd-riaghlaidh a' bhaile ciod a dheanadh iad. Bha an t-airgead gu teirgsinn, agus cha robh fhios càite 'm faighte tuilleadh. Bhatar a meas gu 'n cosgadh e ceud mìle dolair na sràidean a ghlanadh air dhòigh 's nach biodh cunnart sam bith romh thuiltean 'nuair a thigeadh aiteamhan an earraich.

Tha na Stàitean agus an Spàin gle fhaisg air a dhol bhar a chéile a thaobh an sgiorraidh a dh' éirich do 'n Mhaine. Tha daoine aig na Stàitean a rannsachadh na tha air fhàgail dhe 'n t-soitheach, a feuchainn ri fhaotainn a mach ciod a dh' aobharaich an spraidheadh a chuir do 'n ghrùnd i, agus ma's fìor na tha sinn a cluinntinn tha na daoine sin a' deanamh a mach gu'm b' ann o'n taobh a mach a rinneadh an gnothuch oirre. Tha aon sgeul ag radh gu'm b' iad na Spaintich a fhuair duine gus an obair a dheanamh, agus an deigh dhaibh fichead mìle dolair a thoirt dha mar dhuais air son obrach, gu'n d' thainig iad ri bheatha. Ach bidh na h-uiread gu radh mu'n chùis nach gabh creidsinn. Ach ma gheibhear a mach gu robh làmh sam bith aig na Spaintich ann an cur as do'n Mhaine, cha'n eil ni a's cinntiche na gu'm bi trioblaid eadar an da dhùthaich. Tha na Stàitean a cur a cuid shoithichean us shaighdaran an òrdugh 's a deanamh ullachaidh air son cogaidh gun fhios nach fhaod e tighinn.

Tha sinn a' cluinntinn gu bheil Aonghas Caimbeul, seann duine còir a tha fuireach air an Amhuinn Mheadhonaich, tinn. Tha e ceud bliadhna 'sa tri a dh' aois.

Thug sinn iomradh anns an àireamh mu dheireadh air duine a bhi air a ghlacadh aig <eng>Leitches Creek<gai> air àmhrus gu'm bu mhortair e. Fhuair e fios as na Stàitean toiseach na seachdain so nach b'e an duine a bhatar ag iarraidh idir.

Mar a thug sinn iomradh roimhe tha muinntir na siorrachd so cheana bruidhinn mu thaghadh nan comhairleach a tha gu bhi ann deireadh an fhoghair. Am measg moran eile tha bruidhinn air ruith, tha W. A. Richardson 'sa bhaile so, agus <eng>Henry<gai> Domhnullach am Bridgeport. Bha 'a dithis so àireamh bhliadhnaichean 'sa chomhairle roimhe.

Di-satharna s'a chaidh bha fear Domhnull Mac Aoidh air a mharbhadh ann am meinn ghuail ann an <eng>Stellarton, N. S.<gai> Bha e aig obair 'nuair a thuirt tòir guail air 'ga mharbhadh air ball. Bha e na dhuine measail air an robh deagh chliù anns an àite. Bu duine mhuinntir na seann dùthcha e, agus thainig e mach do'n dùthaich so o chionn choig bliadhn' deug air ais.

Tha sgeul air tighinn as an Fhraing ag innse gu bheil Dreyfus, an duine truagh a tha air a phrìosanachadh air eilean beag a tuath air Astralia, a' dol as a rian, agus gu 'n d' thug e ionnsuidh o chionn ghoirid air crìoch a chur air fhéin. Tha e air a chumail ann an tur aineolas air na tha 'dol air adhart anns an t-saoghal timchioll air, a bharrachd air e bhi air a chumail anns a' phrìosan agus gearradh làidir de shaighdearan 'ga choimhead. 'S beag an t-ioghnadh ged a bhiodh inntinn a dol air aimhreit. A reir gach coltais tha 'n duine bochd neo-chiontach, ach cha robh dòigh air a shaoradh, oir cha robh eadhon coltas ceartais air a thoirt do <eng>Zola<gai> a dh' fheuch o chionn ghoirid ri dhearbhadh nach b'e <eng>Dreyfus<gai> an duine ciontach idir.

Bidh ar leughadairean uile duilich a chluinntinn gu bheil ar caraid Iain Rothach agus a bhana-chompanach gu tinn. Tha co-fhaireachdain

againn riutha 'nan trioblaid, agus tha dòchas againn nach fhada gus am bi iad le chéile gu slàn fallain. Bha meas mor aig muinntir nan dùthchannan tuathach so air na litrichean a bha Mr. Rothach a' cur ugainn ag innse mu <eng>New Zealand<gai> 's mu chleachdaidhean nan naisinneach, agus tha dòchas againn gu'm bi e comasach an ùine ghearr air tuilleadh litrichean a sgrìobhadh. Mar a tha fhios aig ar leughadairean, fhuair Mr. Rothach a bhreith us 'àrach anns an eilean so, agus tha moran de chairdean 's de luchd-eòlais ann fhathast. Bidh sinn an comain neach sam bith a chuireas fios ugainn d'a thaobh o àm gu àm, a chum 's gu'm bi 'nar comas innse da chàirdean ciamar a bhitheas e.

Iadsan a' Phaigh.

Eobhan D. Mac <eng>Philip, Grand River<gai>
\$4.00

Domhnull Mac Leoid, <eng>Stirling<gai>
Alasdair Mac Ille-mhaoil, <eng>Catalone.<gai>
D. B. Mac-a-Mhaighstir, Creaganais,
\$1.50

Aonghas Mac Fhearghais, <eng>Port Morien<gai>
Tormad Mac Ascuill, <eng>Framboise<gai>
\$2.00

Alasdair S. Mac Leoid <eng>Framboise<gai>
50

Alasdair Buchanan, Braid-Albainn, E. P. I.
Iain A. Caimbeul, <eng>Heatherdale<gai> E. P. I.
A. J. Mac Dhiarmaid, <eng>Ottawa, Ontario<gai>
Cailean Caimbeul, <eng>Beaverton, Ontario<gai>
<eng>Barbara C. Leitch, Simcoe, Ontario<gai>
50

Iain Grannd, <eng>Lagan, Ontario<gai>
\$2.00

Aonghas Mac Aoidh, <eng>Providence, R. I.<gai>
A. E. Mac Phàilain, <eng>Spokane, Wash.<gai>
\$2.50

Mairi A. Mhathanach, <eng>Boston, Mass.<gai>
Seumas B. Stiubhart, <eng>Robbin, Minn.<gai>
Iain. F. Mac-a-Ghobha, <eng>Quesnelle, B. C.<gai>

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, -- C. B.

<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, -- C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35
Orain Iain Luim .35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na
pris ainmichte.
Sgriobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 294]

[Vol. 6. No. 37. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 261.)

gus an do thogadh long mhor dhomh. An uair a bha i deiseil, chuir mi
na bh' agam de bhathar air bord innte; ach o nach robh agam na
luchdaicheadh i, leig mi le marsantan eile an cuid bathair a chur
air bord, agus falbh comhladh rium.

An uair a sheol sinn, fhuair sinn soirbheas cho fabharrach 's a dh'
iarramaid. An deigh dhuinn a bhith uine mhath a' seoladh, chaidh
sinn air tir ann an eilean fasail far an d' fhuair sinn ugh roc a
bha cheart cho mor ris an ugh air an d' thug mi iomradh roimhe. Bha
isean ann, agus bha e deas gu tighinn as an ugh; oir bha e 'n deis

toll a thoirt air an t-slige le 'ghob. Bha na marsantan a dh' fhalbh comhladh rium anns an luing air tir anns an eilean mar an ceudna; agus an uair a chunnaic iad an t-isean air thuar tighinn as an ugh, bhris iad an t-ugh le tuadhannan; thug iad as an t-isean 'na phiosan, agus rost is dh' ith iad e. Ged a ghuidh mi gu durachdach orra gun ghnathach a ghabhail ris an ugh, cha tugadh iad cluas no geill dhomh.

Mu 'n gann a chuir iad crìoch air an fheisd, chunnaic sinn da roc a' tighinn an rathad a bha sinn, agus bha iad a cur dubhair air an iarmailt mar gu 'm biodh da neul mhora ann. Thuig an sgiobair a bh' agam air an luing gle mhath gu'm b' ann leis an da roc so a bha 'n t-ugh a chaidh a bhristeadh, agus gu 'n robh sinn ann an cunnart ar beatha chall mur grad theicheamaid, agus ghlaodh e ruinn sinn a dhol air ais gu bord cho cabhagach 's a rinn sinn riamh. Rinn sinn so; agus gun dail sam bith chuireadh a long fo a lan-aodach, agus sheol sinn air falbh.

Anns a' cheart am rainig an da roc far an robh an t-ugh, agus an uair a chunnaic iad mar a bha, thoisich iad ri glaothaich gu h-uamhasach. O 'n a bha iad toileach dioghaltas a dheanamh oirnn, thill iad as an taobh as an d' thainig iad. Car uine chaill sinn sealladh orra. Thuig an sgiobair gu math cìod a bha 'nam beachd a dheanamh, agus dh' ordaich e tuilleadh sheol a chur ris an luing, a chum, na 'm bu chomasach e, gu 'n rachamaid as o 'n chunnart anns an robh sinn.

An uine gun bhith fadh thill an da roc, agus creag mhor anns an robh cunntas thunnachan de chudam aig gach te thiubh 'na cruidhean. An uair a thainig iad os cionn na luinge, thoisich iad ri itealaich gu socrach, agus leig te dhiubh as a' chlach a bh' aice; ach chuir an stiùireamaiche beum air an stiùir anns an am, agus thuit a' chlach anns a mhuir ri cliathach na luinge. Leis an toll a rinn i anns a mhuir, cha mhor 'nach fhaca sinn an grunn. Gu mi fhortanach leig an roc eile as a' chlach a bh' aice cho dìreach os ar cionn 's gu'n do bhuail i air meadhain na luinge, agus rinn i mìle pios dhi.

A' chuid nach do ghrad mharbhadh dhe na maraichean 's de na marsantan, bhathadh iad ach mise 'nam onar. Ged a chaidh mi fodha mar a chaidh cach, thainig mi rithist an uachdar. Gu fortanach fhuair mi greim air sgonn math fiodha, agus chaidh agam air mi fhein a chumail an uachdar gus an do chuir a' ghaoth 's an sruth air tir mi air cladach eilean.

(Ri leantuinn.)

BARAIL EILE.

Cha 'n eil 'na 'r linn litreachas a tha tabhairt barrachd beatha do ar cainnt na MAC-TALLA.

Chi mi a' measg litreachas nan Gall is nan Sasunnach cuid a tha gabhail ioghnaidh air son a bheò ghluasaid a tha air éiridh air

feadh an an t-saoghail ann an litreachas nan Gaidheal.

Cha mhor an teine a lasas moran connadh, ach cha'n eil iad ag amas air an dearbh bhad anns an do chuireadh am fraoch ri 'theine-ach is i mo bharaile fein gu'm b'i oifig a MHIC-TALLA a ghluais an fhalloisg. Tha MAC-TALLA tabhairt dhuinn as ionmhas nithibh ùr agus sean; beachdan glana agus firinn neo-chearbach gu beag anns gach ni. Ach mar a thachair do gach litreachas-ach a h-aon a mhàin-tha beagan fo mo shùil an seo na 'litreachas nach eil a dol sìos agam, agus is e seo e—"Gu'n do thilg duine foghlumichte beachdan Lachlain na Gàilig air a Ghàilig bun os cionn."

Bu mhaith leam fhin am fear fhaicinn no a chluinntinn a bhiodh comasach air sin a dhearbhadh air bhonn creideasach. Cha 'n abair mi gur i Gàilig an ceud chanain a bhatar a labhairt, is cha mho a their mi nach i; ach tha blàth na h-aoise cho mor air a Ghàilig is nach eil e air chomas do neach air bith a h-aois innse, no a freumh fhaighail a mach. Chaill e an comharra fiachail, air dhòigh is nach eil foghlumaiche comasach air a h-aois innse.

Suim is brigh nam briathran bha bho shiorruidheachd 'sa Ghàilig. Mur cainnt shiorruidh a Ghàilig tha i gle choltach ri cainnt na shiorruidheachd. Tha da ni shònruichte a tha 'ga deanamh cosmhuil ri sin, agus is iad so iad—`<eng>`"Mana,"`<gai>` agus `<eng>`"Mene, mene, tecel, upharsin."`<gai>`

B'e Mana coirc' nan speur, no biadh nan Aingeal, mar a tha Rìgh Israeil ag innse dhuinn. Co e an Gaidheal do nach aithne suim is brigh an fhocail Mana, samhladh an arain fhior a bha gu teachd; tha am focal Mana air a chleachdadh co tric 'sa Ghàilig is nach eil aobhar air a bhi sgrìobhadh gu a dhearbhadh gur ann bho'n chainnt shiorruidh a b' eigin do na h-Israelilich am focal a ghabhail an iasad. A rithist `<eng>`me-ne`<gai>`—neo-mheigheach, no neo chothromach; `<eng>`tecel`<gai>`—tha e cleith a chuideam a bu chòir da bhi ann-chunnaic e mar a thachair do 'athair 's cha d' thug sin rabhadh dha, ach cheil e 'n cuideam; `<eng>`u-far-sin`<gai>` no tha thu air t-òrdachadh far na cathair rioghail air am bheil thu 'na do shuidhe. Is e mo bharaile gu bheil e soilleir gu leor gur e Gàilig a sgrìobh an làmh aia a bhalla. Cha b'e Eabhra no Gréugaig no Caldeic no Arabic no meanglan air bith de chainnt sliochd Sheim no Ham a bha 'n sid; na 'm b'e bha foghlumaichean gu leòr an sud gus a leughadh, ach b' eigin aon anns an robh spiorad an De shiorruidh fhaigheil gus a mhìneachadh.

Chi sinn am fàigh Isàiah a tabhairt ainm air Iruusalem ann an Gàilig cho glan 's ge b' ann an Leòbhas no 'san Eilean Sgiathanach a bheirte e. Is e 'n t-ainm Aerial (àiridh-ail). Tha am focal air a riasladh aig luchd-rannsachaidh freumhan chànan, cuid ag radh gur e teallach Dhe, cuid eile gur e leomhan Dhe, a's ciall dha; ach tha 'm foghlumaiche soilleir Mac-a-Ghobha ag ràdh gu'm bheil am focal no suim an fhocail gun fhuasgladh fathast. 'Nam b' aithne dhoibh Gàilig bhiodh e soirbh gu leòr dhoibh ciall an ainme a thuigsinn.

B'e Salem a b' ainm do cheana-bhaile na talmhuinn (oir co ris a

their sinn ceana-bhaile na talmhuinn ach far an do thòisich s an do chriochnaich Mac Dhe 'obair air thalamh) ann an làithibh Mhelchisidic, agus is e Gàilig a tha san fhocal. Tha saimh, sàth, sàmhach, sàthach, saibhir, agus iomadh focal eile air an tabhairt bho'n aon fhreumh. Is e smear a Ghaidheil a bh' ann am Melchisidic, (Iaphet gun teagamh), oir mur e Iaphet a bh' ann am Melchisidic cha deacha faitheadaireachd athar a choimhlionadh do Iaphet fathast gu pearsanta. Fhuair e gealladh gu'n gabhadh e còmhnuidh ann am bùthaibh Sheim. Tha an gealladh air a choimhlionadh do shliochd Iapheit gun teagamh fo fhrithealadh an t-Soisgeil, gidheadh bha aig Iaphet ri còmhnuidh a ghabhail ann an Salem no ann an Iar-u-Salem, oir bha Salem eile ann far an robh moran uisgeachan an ear air Iar-u-Salem. Chi sinn mar an ceudna Micah a dearbhadh an ainme Airidh-aile 'nuair a tha e anns an ochdamh rann de'n cheathramh caibideil a' cantail "tùr an tréud" ris. 'Nuair a dh' fhuadaich Iebus na Gaidheil á Airiail thug iad an Eiphit orra, cuid dhiubh co-dhiubh, agus dh' ainmich iad Amhuinn na h-Eiphit "Neul Eas." Ghleidh na Gréugaich an t-ainm is mhill na Goill 's na Sasunnaich e leis an ainm Nile, gus a Ghàilig a chur á seilbh air an ainm aosda. 'Nuair a thriall iad troimh 'n Ghréig thug iad "Oil-thigh Dhia" mar ainm air a bheinn ris an can iad <eng>Olympia<gai>. Is iad a thug a h-ainm do <eng>Areopagus<gai>-an àiridh obagach. 'S aithne do gach Gàidheal ciod a tha obag a ciallachadh, 's ciod a tha àiridh a ciallachadh. Is iad a thug an ainm do na <eng>Stoics<gai>-stocaich. Le fanaid gun ag tha na Sasunnaich a' cumail a mach gur ann a fhuair iad an t-ainm bho sgàth-thigh a bha aig an Airidh-obagaich, ach cha'n eil an sin ach nach aithne dhoibh ciall an fhocail. Is iad a thug an ainmibh Sgallaiseach do 'n Sclanrig <eng>(Sclavonic)<gai> 's do 'n tutanaich <eng>(Teutonic).<gai>

Tha rùrantaich, no mar a their a Bheurla,

[TD 295]

[Vol. 6. No. 37. p. 7]

<eng>philologists<gai> a feuchainn ri dhearbhadh dhuinn gu'm bi 'chainnt ris an abair iad féin Aryan an ceud chànain. Ceart gu leòr, ach cha'n eil iad a gabhail beachd air an fhocal gur e glan Ghàilig e-"airidh," leis an a a bhi air a fuaimeadh goirid, tha 'm focal a ciallachadh <eng>worthy<gai> eadhon anns a chainnt Innseanich fhéin, agus tha e soilleir gur e Gàilig am focal. 'Nise 'nuair is e Gàilig a tha ag ainmeachadh na cainnt aosda ud 's eigin gu'm b'i Gàilig a màthair-aobhair.

Tha a rithist an "t-Seann Sgrìobhte," no 'n <eng>Sanskrit<gai> mar a their na Sasunnaich, air a h-ainmeachadh ann an glan Ghàilig. Tha mi eòlach air sgrìobhadh Findleter, L. L. D., a bha 'na fhoghlumaiche mor 's na cànairean a bha e 'thigsinn, gidheadh do nach b' urrainn focail Ghàilig a bha e sgrìobhadh eagar mar bu chòir dhoibh a bhi. Is e "me" tha aige an àite mi, agus is e "deir" a tha aige mar ainm air nighean <eng>(daughter).<gai> Bha gun teagamh "Deir-Bhaail" aig ar sinnsir mar ainm air BanDia na Bealltuin, fo riaghladh an robh

tabhairt an teine a bha air a bheannachadh air an altair do gach aon air maduinn na Bealltuin; ach cha'n eilear 'sa Ghailig a cantain "deir" ri nighean dnine. Is ann ri nighean an de Baal a theirte Deir-bhaeil, gidheadh cha do chaill ar sinnsir beachd air an Dia neo-aithnichte ach is e Dia do-aithnich a theireadh iad ris, agus 's ann uaithe sin a tha ainm an latha Di-dònaich.

AONGHAS MACAOIDH.

<eng>Providence, R. I.<gai>

Tighearn' Acharonaich.

Ged nach deachaidh Iain Og agus Iseabal Bhàn, a bha còmhnuidh, bho cheann leth cheud bliadhna, ann an Glaicanfheoir, eughach ann an Eaglais, bha fios aig na coimhearsnaich gu 'n robh gealladh pòsaidh eatorra. B' iasgalr a bh' ann an Iain, agus b'i nighean croiteir a bh' ann an Iseabal. Gus an d' thainig Maighistir Alain, mac bràthair athar Iseabal, a bha 'na fhear-lagha ann am Baile-nan-clach, air chuairt do'n bhaile, cha robh dithis riamh ann a bu shona ann an gràdh a cheile na Iain agus Iseabal.

Air là bha sin thug athair Iseabal a mach Alain a dh' fhaicinn an fheudail agus a bhara. Air do 'n bhodach a bhi moladh na bha aige de staras, thubhairt am fear-lagha ris—"S iongantach leam fhéin duine cho saobhir ribh gu 'n tugadh sibh bhur nighean do dhuine cho bochd ri Iain Og agus gun aige eadhon tigh dha féin. Nach 'eil a phiuthar a gabhail roimhe?" "Faodaidh sin a bhi fìor, ach co a gheibheadh i na's fearr na e?" ars' am bodach. "Nach mi féin na's fearr na e?" deir Alain, "agus ma ghabhas i mise bithidh i na bean uasal ri 'beò. Cha d' innis mi riamh dhuibh gu'n do cheannaich mi oighreachd Acharonaich, a tha coig mìle a mach á Baile-nan-clach. Ma gheibh mi air m' aghaidh cho maith 's a tha dùil agam 's e Dunéidean a chumas rium agus 'n uair a theid m' àrdachadh, 's e 'n tiodal a roighneachas mi, <eng>'Lord Fernfield.'<gai> Nach bu mhor an t-urram dhuibh féin gu 'n abradh iad <eng>'Ma Lady'<gai> ri 'r nighean?" "Tha mis'," ars' am bodach, "gle dheònach gu 'n gabhadh Iseabl thu agus gur ann mar sin a bhiodh a chùis. O'n a tha thu féin ad' fhear-lagha cho seòlta theagamh gu'n innis thu ciamar a gheibh sinn cuiteas Iain Og." "Leigibh sin," deir Maighistir Alain, "an urra riumsa."

Ghabh am fear-lagha a chothrom féin air a bhi cuir a mach suil Iain agus ann a bhi g'a chuir féin a stigh air Iseabal. Mheudaich e air a shaoibhreas, a thapadh, a mhorachd féin: agus leudaich e air bochdainn, air amaideachd, air isleachd Iain. "Ma phòsas tu Iain," ars' esan, "cha bhi eadhon tigh agad dhuit féin. 'S i do phiuthar-chéile bhitheas na bana-mhaighistir ort." "Tha thu breugach," deir Iseabal, "Ni Iain ni sam bith a dh' iarras mi air." "Chi sinn," ars' am fear-lagha.

A chiad uair a choinnich Iain Iseabal dh' innis i dha mar thubhairt Maighistir Alain agus, air do Iain a bhi faicinn troimh chuilbheartaibh an nàmhaid, fhuair an fhearg buaidh cho mor air 's

gu'n deachaidh e féin agus Iseabal thar a chéile cho searbh 's gu'n tug iad bòid nach bruidhneadh iad ri chéile gu bràth tuille.

An ceann beagan mhiosan an deigh so poès Iseabal Bhàn agus Maighstir Alain. Beagan an deigh dhoibh dol cuideachd, thainig caraid sònraichte, ris an robh Alain a leigeil ris rùn a chridhe, 'choimhead air. Air dhoibh a bhi le chéile air là àraidh thubhairt an caraid so ri Alain—"Tha mi 'n dòchas, leis an tochar mhor so a tha thu faotainnn, gu'n teid agad air t-fiachan a phaigheadh, agus nach bi thu briste, mar a bha eagal ort a bhitheadh tu." Fhreagair Alain—"Bithidh fios agam a nochd 'nuair a thig na litrichean."

Air an oidhche sin fhuair Alain litir bho athair-céile, agus is iad so cuid de na briathran a bha sgriobhte innte—"O'n a tha thu féin cho saibhir's a tha thu cha'n eil feum agad air cuideachadh sam bith uamsa, air an aobhar sin tha mi 'fàgail an tochair a tha mi toirt le 'm nighinn dhuit a mach air ocar gu bhi air uisneachadh air son faoghlum a thoirt do bhur cloinn 'n uair a thig iad gu aois."

Air an là an deigh sin dh' fhàg Maighstir Alain beannachd aig a mhnaoi, dh' fhalbh e agus cha'n fhac i riamh tuille sealladh d'a shùil.—DONULL MAC CALUM 'sa <gai>Highland News.<gai>

Mr Iain Rothach tinn.

FHIR-DEASACHAIDH:—Tha sinn ro dhuillich a chluinntinn bho chinn beagan tim gu bheil an duine còir Iain Rothach ann an Rudha Mharsden, <eng>New Zealand,<gai> a chleachd a bhi toirt dhuinn bho àm gu àm, anns a' MHAC-TALLA, litrichean brioghor agus pongail mu <eng>New Zealand<gai> agus mu chleachdaidhean na Maories, air a bhualadh sios le paralais, agus gu bheil a thaobh cearr gu h-iomlan gun lùs. Tha a' bhean mar an ceudna air a dochann le tuiteam, agus a reir coltas a' làmh agus a' cas air am bristeadh.

Tha da rireamh co-fhaireachadh againn ri Mr Rothach na thrioblaid agus b'e ar dùrachd, na'm bitheadh e 'nar comas, fhiosrachadh na thrioblaidean. 'Se ar n-iarrtus gu'm bi e féin agus a bhana-chompanach air an aiseag gu slàinte agus air an cumhnadh moran bhliadhnaichean fhathast gu bhi tabhairt còmhnadh agus comhfhurtachd do aon a chéile, agus gu'm bi sinn a' faicinn a litrichean, air an robh sinn ro dhéigheil, fathast anns a MHAC-TALLA.

I. M.

An Gut a Deas, Màrt 2., 1898.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 296]

[Vol. 6. No. 37. p. 8]

Di-moladh an Uisge-bheatha.

Cha 'n òl mi deur tuille, deur tuille, deur tuille,-
Cha 'n òl mi deur tuille, deur tuille do 'n dram;
Cha 'n òl mi deur tuille; cha dean mi ris fuireach
'S mi cinnteach gu 'n cuireadh e 'n tubhaist 'am cheann.

Gur mis' tha gu bronach, am laidhe 's tigh-osda,
Mi 'teannadh ri oran le bòidean gu teann;
Ag eirigh air m' uilinn, 's ag éigheach gu duineil-
"Cha 'n òl mi deur tuille, deur tuille do 'n dram."
Cha 'n òl mi, &c.

'S trom, eisleineach m' aigne 'n àm eirigh 'sa mhaduinn,
Mo bhriogais mu m' chasan 'ga tarruing a nall,
Mo bhriogais 'na stroicean, cha dean i mo chomhdach,-
'S e eighach nan stop 'chuir am poca cho gann.

Le m' chois air an urlar, 's gann tha mi air dùsgadh
'S gur measa 'na brùid mi le sturdan 'sa cheann;
Le smal air mo leirsinn, 'san t-snigh air mo leine,
Mo chridhe lan eislein le speura de 'n dram.

Mo leirsinn air tuiteam, cha leir dhomh mo thrusgan,
Cha 'n eil mi ach tuisleach a' trusadh gach ball,
Ann an seomar na bochdainn, ag iarraidh gach oisinn,-
Ciamar 'theid mi air chois eachd 's na h-osain air chall?

Tha muinntir an tighe ri buird agus fanoid,
O'n dh' eirich mi falamh, cha 'n fhaigh mi an taing;
Bu bhriathrach an raoir iad, 'n àm lasadh nan coinnlean,
An toiseach na h-oidhche bu chaoimhneil an cainnt.

Bidh iadsan cho fiadhaich mur paigh thu na fiachan,
Gach latha 's a' bhliadhna 'gan iarraidh gu teann.
'Cur cagair ad achlais, le briathran a' mhaslaidh-
"Tha agam ort tasdan, a's aisig e nall!"

Bidh esan cho sporsail 's a' chlachan Di-donaich,
Bho 'n cheannaich e cota le poiteir an dram,
Clann ceathairne coir ann, gun bhoineid gun bhrogan,
'S nighean dubh an tigh-osda, le srol air a ceann.

Sguiridh mi an bheist ud, cha bhi mi ga eigheach,
Gun fhios-a'm fo 'n ghrein ciod am feum a tha ann;
Their na fir laidir, 'nuair chi iad air sraid mi,-
"Tha poit an tigh-thairne 'ga fhagail-san fann!"

Cha 'n òl mi deur tuille, cha dean mi ris fuireach,
Cha teid mi le furan an cuideachd mo chall,
'N uair chluinneas mi 'n deoch ud 'ga h-eighlich le frogan,
Bidh iallan mo sporan g' an roladh gu teann.

Laoidh.

'Nuair bhios na neòil am spéur a' gleachd,
Na làithean dorch' 's na càirdean tearc,
Mo thaic bidh air a' charaid ghaoil
A dh' iomchair uile àmhghar dhaoin';
Mo dhìth 's mo gheilt 's ann dà is léir,
'S leis cunntar 's taisgear suas gach deur.

Gu seachran ma bhios m' anam buairt'
Bho chèum an ionracais 's na stuaim',
A sheachnadh aon ni mhaith bha 'm shùil,
No dhèanamh rud nach robh am rùn,

An tì a bhuadhaich thar gach nàimh,
Cumaidh e suas mi 's a' chruaidh-chàs.

An uair bhios m' acain trom a thaobh
Gun d' fhàs rium feallsa luchd mo ghaoil,
Ni esan còmhnadh leam e fhéin,
A fhuair 's an t-saoghal bròn is péin;
Thréigeadh is bhrathadh e d' a nàimh,
Leòsan a dh' ith 's a dh' òl o 'làimh.

'N uair dh' éireas smuaintean goirt am chrìdh',
'S a leagas uamhas m' anam sìos,
An tì aon uair a lub a chluas
Gu caoin ri cnead a' chridhe thruaigh.
Cuiridh gach doilghios-crìdh' air chùl,
'S gu bàigheil tiormaichidh mo shùil.

'N uair ruitheas deòir a sìos mo ghruaidh,
Thar caraid gaoil ga chur 's an uaigh,
A ghuth, a làimh, is aoibh a ghnùis',
Ga 'm falach seal o bheachd mo shùl.
A Shlan'gheir, faic mo dhèura searbh,
Oir ghuil thu fein thar Lasaruis marbh.

Is o, 'n uair bhios mi réidh 's an saogh'l,
'S gach dèuchainn seachad ach an t-aon,
Cum thusa 'n sin mo mhisneach suas,
Oir laigh thu fhéin fo 'n bhàs car uair';
Seòl mi gu tìr an t-soillse bhuaibh,
'S an dèur mu dheireadh siab o m' ghruaidh.

'S Caomh Leam mo Mhaldag.

O! 's caomh leam fhéin mo mhaldag,
An té bhàn da 'n d' thug mi 'n gaol;
'S ro thoigh leam fhéin mo ghràdh geal,
An té 's fhearr leam air an t-saogh'l,
Tha m' aigne nis air dùsgadh-
Gur mùirneach mi gu ceòl,
Bho'n thug mo leannan rùn domh,
Mo chion 'us m' ùigh ri 'm bheò.

'Nochd caidlidh mi neo luaineach,
Gun bhruaillein orra no cràdh,
Cha 'n eagal leam na bruadair,
A bhios a luaidh mu 'm ghràdh;
An t-eun is àirde 'ghluaiseas,
Theid uair-eigin gu tàmh-
Cha b' aithne dhòmhsa suaimhneas-
Gu'n d' thug mo luaidh dhomh 'làmh.
O! 's caomh leam fhein, &c.

Is lionmhor seud glé luachmhor,

Tha 'n uaigneas fad o shùil,
'Nan àilleachd fhéin neo-thruailte,
Gun luaidh bhi air an cliu;
Mar sud tha maise 'm eudail,
A measg nan ceudan slòigh,
A buadhan àrd cha léir dhoibh,
No beusan glan na h-oigh.

Is caoin an osag chubhraidh
Tha 'guilan tùis nan cluan,
Is lionmhor ribheid shiùbhlach
Tha 'n coill nan dlùth-chrann uain'.
Ach 's annsa leamsa mànrán,
'Us cagar tlàth mo rùin,
'Nuair ghleusas i na dàin dhomh
'S mo làmh ga tarruing dlùth.

Cha sheinn mi tuillidh 'n tràth so,
'S cha toir do chàch mo sgeul,
Ach feithidh mi gu sàmhach,
An là a their thu fhein:
'N sin fuadaichidh an fhàire,
Na sgàilean 'laidh cho dlùth,
'S thig sonas agus àbhachd,
Thoirt fàilt' do'n mhaduinn ùir.

AN DA LEIGHEAS

AGUS <eng>K. D. C. PILLS<gai>
Leigsidh iad an da Eucail Mhor
CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.
Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.
<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd

NIALL Mac FHEARGHAIS,
Taillear.
SIDNI, - - - C. B.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da
sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir
tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus

FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

[TD 297]

[Vol. 6. No. 38. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 18 MART. 1898. No. 38.

<eng>AFRICA.<gai>

Bha 'n saoghal gle eolach re iomadh bliadhna air ceann mu dheas
<eng>Africa<gai> 's air Ros an Deadh-dhochais. B' eiginn do gach
soitheach-seolaidh 'us do gach long-cogaidh a bha 'dol do
<eng>China<gai>, no <eng>India<gai>, no <eng>Australia<gai>, an
turas a ghabhail mu 'n cuairt taobh deas <eng>Africa<gai>.
Gheibheadh iad aig an ros ainmeil so gach ni air am bitheadh feum
aca, 's mar an ceudna bhitheadh an neart 's an treoir air an ath-
nuadhach airson an corr de 'n t-slighe 'bha fathast air thoiseach
orra. Cha robh Claise-uisge Shueis ullamh aig an àm so, 's cha robh
rathad a bu ghiorra ann airson dol gu ionadan farsuing na h-airde 'n
ear, na mu thimchioll taobh mu dheas <eng>Africa<gai>. Is ann anns
a' bhliadhna 1806, a fhuair na Breatunnaich coir 'us sealbh air
ceann mu dheas <eng>Africa<gai>. Is iad na Duitsich a rinn a' cheud
tuineachadh a bha airidh air iomradh air bith anns a chearna so de
<eng>Africa<gai>. An àm cogadh Bhonapairt, b' eiginn doibh a 'nis
agus a rithist, le 'n deoin no le 'n andeoin, aontachadh leis a
cheannard. Fhrangach a bha iarrtuis each air e fein a dheanamh 'na
mhaighstear gu buileach air an Roinn-Eòrpa agus air gach righ 'us
fine 'bhuineadh dhi. Thug Breatunn le 'cabhlach laidir buiadh air na
Duitsich a bha fo chasan Bhonapairt, agus gus an latha 'n diugh is
ann aice-sa 'tha ughdarras ard, cumhachdach ann an ceana mu dheas
<eng>Africa<gai>. Is iomadh dragh 'us call a b' eiginn do Bhreatunn
fhulang o'n rinn e greim le laimh laidir air cearna iomallach
<eng>Africa<gai>. Is e fineachan borba, iargalta, fuileachdach a bha
m' an cuairt dhi. An trath a chaidh na Breatunnaich mu thuath de 'n
ros, thachair orra na Hottentotaich agus na Caffraich, treubhan
fiadhaich, co ladarna, treubhach 's a bha air an t-saoghal. Is

iomadh ceannard gasda 's saighdear aluinn a chaill a bheatha ann a' cogadh an aghaidh nan treubhan ud. Chiosnuich an Ceannard Cathcart iad mu dheireadh, beagan ùine mun do thoisich cogadh a' Chrimea, far an do chaill e 'bheatha ann a' cur a' chath an aghaidh na Russianaich. B' abhaist do Ghaidheil o cheann leth-cheud bliadhna 'dol bho Ghaidhealtachd na h-Alba gu Natal, far am bheil an clann gun teagamh measail 'us urramach an diugh. Bha na Duitsich daonnan curamach m' an slainte 's an tearuinteachd. Cha deachaidh iad fada mu thuath air an aobhar so, ma bha dragh no cunnart anns a' chuis. Is iad na Breatunnaich fein a chaidh mu thuath, agus a fhuair le cruadal anabarrach, eolas air an dùthaich agus air na daoine 'bha gabhail comhnuidh innte. <eng>Moffat<gai> agus a cliamhuinn an Gaidheal aluinn, Dàibhidh Mac Dhun-Leibhe-b' iad so da theachdaire 'rinn maith mor ann an <eng>Africa<gai>. Tha mu dha fhichead bliadhna bho'n thainig Mac Dhun-Leibhe air ais airson na ceud uair do Bhreatunn, agus a sgrìobh e eachdruidh mu chuibhrionn mor <eng>Africa<gai> air nach robh eolas air bith aig an t-saoghal roimhe. Is ann an Ullabha, eilean a tha gle dhluth do <eng>Iona<gai>, 'chaith sinnsirean Mhic Dhun-Leibhe an laithean. Cha robh iad beartach, ach bha 'n dileab luachmhor so aca, gu robh iad uile onorach, agus nach cualas riamh iomradh air aon de 'n ainm nach robh onorach. Cha d' eirich riamh caraid co eudmhor, foghainteach do threubhan 'us do thraillean bochda <eng>Africa<gai>, ris a' Ghaidheal ghaisgeil, eireachdail, ainmeil, Daibhidh Mac Dhun-Leibhe. Chaidh, an uair a thainig crìoch air a thurus talmhaidh, adhlachadh an Abaid na h-Iar-mhisteir maille ri daoine mora 'us mearganta na rioghachd. Cha 'n ann gun saothair chruaidh a thug na Breatunnaich buaidh mu dheireadh air na Sulanaich. O'n nach robh faire cheart air a chumail, fhuair na Sulanaich aig Isandhula fath 'us cothrom air sgabadh eagalach a dheanamh am measg nan saighdearan Breatunnach. Bha 'm prionnsa òg Napoleon maille ris na Breatunnaich aig an àm so, agus 'nuair a bha e le cabhag a' leum anns an diollaid a chum gu faigheadh e le tapadh 'eich gu h-ionad tearuinte, rug saighdean Sulanach agus ghearr e sìos am prionnsa òg, curanta. Thug iad a chorp dachaidh do Shasunn. Cheannaich Ban Iompaire nam Frangach, re iomadh bliadhna sona, oighreachd bheag, bhiodheach dhi fein faisg air Aldershot, ann an Sasunn. Thog i tigh Mhanach eireachdail air a h-oighreadh. Ann an grunn an tighe so, tha corp an Iompaire 's corp a h-aona mhic agus a h-aon duine cloinne, ann an cistean domhain de ghranite. Bha mi fein anns an tigh so 'us chunnaic mi na cistean mora cloiche anns am bheil corp an Iompaire 'us corp a mic a chaidh 'mharbhadh leis na Sulanaich ann an <eng>Africa<gai>. Anns an tigh Mhanach so, tha aite air fhagail airson na Ban-Iompaire i fein, 'nuair 'thig crìoch air a laithean, am boirionnach greadhnach, boidheach, a fhuair cuibhrionn fuasach de thrioblaid 'us amhghar geur, guineach, anns an t-saoghal so cheana. Tha Maighstir Gladstone aosmhor a nis. Is e duine foghlumte aig am bheil inntinn iongantach a tha ann. Re iomadh latha 's bliadhna cha robh ann an tigh na pàrlamaid ann an Lunnainn, aon eile 'bha co ealanta, co ur-labhrach 'us deas-bhriathrach ris. Ged bha buaidhean luachmhor inntinn 'us cainnt aige, bha e daonnan 'na chlaodhaire gealtach, mairnealach anns na cuisean iomadach a tha aig Breatunn air feadh an t-saoghail gu h-iomlan. Chuir Shepstone, uachdaran tuigseach, teoma, crìoch air ughdarras nam Boerich, agus naisg e iad ri rioghachd farsuing

Bhreatuinn ann an ceann mu dheas <eng>Africa<gai>. Ged tha na Boeirich leisg, lunnach, rinn iad spairn chruaidh airson an saorsa 's an coirean a ghleidheadh. Rinn, anns an dorchadas, ceannard nam Breatunnaich mearachd, agus fhuair na Duitsich buaidh air feachd cliuiteach nam Breatunnaich. An aite cothrom a thabhairt do 'n cheannard ainm 'us cliu feachd a dhùthcha 'chosnadh air ais le faobhar geur a' chlaidheimh, ghairm Gladstone am feachd air ais. Thug e 'n saorsa do na Duitsich mhosach, agus rinn e mar so 'na ghealtaireachd bhochd dochan eagalach do chearna mu dheas <eng>Africa<gai> 's do riaghladh glan, glic, aghartach nam Breatunnach anns an dùthaich ud.

CONA.

Tha na Stàitean a' deanamh deiseil air son a dhol a chogadh ris an Spàinn, ma 'se 's gu'n tig oirre sin a dheanamh. Tha leth-cheud muillean dolair ri bhi air a chosg air air son dion na dùthcha. Tha soithichean-cogaidh 'gan ceannach, 's 'gan cur an uidheam gu bhi deiseil aig àm sam bith a chuirear feum orra. Cha'n eil dearbhadh sam bith gu bheil na sgeòil' a bhatar ag innse mu'n "Mhaine" fìor, oir cha do dh' innis iadsan a tha 'ga rannsachadh cìod am barail mu'n chùis fhathast. Cha'n eil fios fhathast cìod a dh' aobharaich an sgiòrradh, agus 'se 's dùcha gu'n teid treis ùine seachad mu'm bi.

Iallan fada o leather chàich.
'S éigin do 'n fheumach a bhi falbhanach.
Na fir uisge teth fo chloich fhuar.
'Tha car eile an sdharo an daimh.
'S ann a bhitheas a' chòir mar a chumar i.
Coinnichidh na daoine ged nach coinnich na cnuic.
Mar 's mianach le brù bruichear bonnach.
'S farasda duine gun nàire a bheathachadh.

[TD 298]

[Vol. 6. No. 38. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. X.

An uair a chuir a ghaoth 's an sruth air tìr mi air oladach an eilean, ghabh mi eagal nach rachadh agam gu brath air dìreadh suas gu feur glas; oir bha na creagan cho cas fad mo sheallaidh 's nach fhaigheadh na gobhair fhein leud bonn an cas annta. Shuidh mi greis mhath far an robh mi a leigeadh m' analach. Ach a dh' olc no dh' eiginn ga'n d' fhuair mi, dhirich mi suas mu dheireadh. An uair a choisich mi beagan astair air m' aghaidh, chunnaic mi gur e eilean

maiseach a bh' ann, agus gu'n robh moran do chraobhan-mheas dhe gach seorsa fas ann. Is ann a bha e coltach ri garadh mheasan. Bha cuid dhe na craobhan air an robh na measan lan abuich, agus bha cuid eile nach robh faisg air a bhith abuich. Bha na h-uiread de shruthain a' ruith gu bras, lubach, am measg nan craobh. Dh' ith mi cuid dhe na measan, agus chord iad rium gle mhath; agus cha b' e an t-uisge dad bu mhiosa 'chord rium.

An uair a thainig an oidhche, leig mi mi-fhein 'nam shineadh air an fheur ann an aite fasnach, blath; ach cha d' rinn mi moran cadail, oir bha m' inntinn troimh a cheile leis an eagal, a chionn gu 'n robh mi ann an aite fasail. Ach cha b' e an t-eagal uile gu leir a chum o chadal mi ach an diombadh a bh'agam orm fhein a chionn mi bhith cho amaideach 's gu'n d' fhalbh mi o 'n taigh an uair nach ruiginn a leas e. Leis mar a fhuair an dragh-inntinn so a leithid da ghreim orm, is ann a smaoinich mi gu'm bu cheart cho math dhomh crìoch a chur air mo bheatha. Ach an uair a thoisich an latha ri soilleireachadh, dh' fhalbh na smaointeanan olca, amaideach so bhar m' inntinn. Dh' eirich mi as an aite 's an robh mi 'nam shineadh, agus thoisich mi ri coiseachd am measg nan craobh, gun fhiamh gun eagal.

An uair a chaidh mi beagan air m' aghart troimh 'n eilean, chunnaic mi seann duine air an robh coltas a bhith gle lag, lapach. Bha e 'na shuidhe air bruaich aimhne, agus shaoil leam an toiseach gur e fear a dh' fhuiling long-bhrìsteadh a bh' ann mar a bha mi fhein. Chaidh mi far an robh e, agus chuir mi failte air; ach cha d' rinn e ach a cheann a chromadh rium. Dh' fheoraich mi dheth cìod a bha e 'deanamh an sid; ach an aite freagairt a thoirt dhomh, is ann a thoisich e ri smeideadh orm, agus ri obair le a lamhan feuch an tugadh e orm a thuigsinn gu 'n robh toil aige mi thoirt cuideachadh dha. Cha robh mi an toiseach 'g a thuigsinn; ach mu dheireadh thuig mi gu'n robh e 'g iarraidh orm a thoirt a null air an amhainn air mo mhuin, a chum gu 'n cruinnicheadh e measan. Lan-chreid mi gu 'n robh feum aige air cuideachadh fhaotainn, agus mar sin thug mi leum a-null air mo mhuin e. Dh' iarr mi air tighinn bhar mo mhuin, agus chrom mi a chum gu'm biodh e na b' fhusa dha tighinn air lar; ach an aite deanamh mar a dh' iarr mi air (agus cha 'n urrainn dhomh gun ghaire a dheanamh a h-uile uair a smaoinicheas mi air), is ann a theannaich e a chasan mu m' amhaich cho teann 's ged a bhiodh i ann an glamaradh a ghobha. Sin an uair a thug mi an aire gu'n robh an craicìonn a bh' air coltach ri seiche mairt. Shuidh e casan-gobhlach air mo ghuaillan, agus rug e air sgornan orm cho teann le lamhan 's gu'n robh e an impis mo thachdadh. Agus leis an eagal a ghabh mi, dh' fhannaich mi, agus thuit mi far an robh mi.

Ged a dh' fhannaich mi cha do leig an seana chreutair mosach as an greim a bh' aige air m' amhaich idir; ach thug e a chasan beagan o cheile a chum gu'n leigeadh e dhomh m' anail a tharruinn. An uair a chunnaic e gu 'n d' fhuair mi m' anail, chuir e an dara cas gu teann cruaidh ri mo stamaic, agus leis a' chois eile thug e buille dhomh anns a chliathaich a thug orm gu 'n d' eirich mi ge b' oil leam. Ged a bha duil agam gur e seann duine lag, lapach, a bh' ann, is ann a bha 'n t-seana bheist cho laidir ri dithis fhear.

An uair a fhuair e 'nam sheasamh mi thug e orm falbh leis fo na craobhan, agus an drasta 'sa rithist, thug e orm stad a dh'itheadh mheasan. Cha robh e 'gam leigeadh as fad an latha; agus an uair a bha mi 'g am leigeadh fein 'nam shineadh air an oidhche gu fois a ghabhail, bha esan 'g a leigeadh fhein 'na shineadh ri m' thaobh, agus bha e 'cumail greim gu teann, cruaidh air amhaich orm. A h-uile madainn phutadh e mi gus mo dhusgadh, agus 'na dheigh sin bhreabadh e mi gus an tugadh e orm eirigh agus falbh leis air mo mhuin. Faodaidh sibh a thuigsinn, a dhaoin' uaisle, cho draghail 's a bha e dhomh a bhith 'giulan a leithid a dh' eallach 's gun chomas air faotainn cuibhtheadh dhe.

Air latha araidh an uair a bha mi siubhal troimh 'n eilean, thachair sligean mora rium a bha air na measan a bha 'fas air cuid dhe na craobhan. Thog mi te dhiubh, agus an deigh dhomh a glanadh, lion mi i le sugh nam fion-dhearcán a bha cho pailt anns an eilean. Chuir mi ann an aite sabhailte i. An ceann beagan laithean na dheigh sin thainig mi 'dh'ionnsuidh an aite an d'fhag mi an t-slige; thog mi i, agus an uair a bhlais mi an stuth a bh' innte, dh'aithnich mi gur e fion math a bh'ann. Dh' ol mi deur math dheth; agus thug e orm nach e mhain gu'n do dhichuimhnich mi mo bhron, ach mar an ceudna gu'n d'fhas mi cho laidir 's cho sunndach 's gu'n do thoisich mi ri gabhail oran 's ri ceumannan dannsa dheanamh mar a bha mi 'coiseachd air aghart.

An uair a chunnaic an seann duine a' bhuidh a bh'aig an deoch orm, agus gu'n robh mi na bu treise gus a ghiulan na bha mi roimhe, dh' fheuch e ri thoirt orm a thuigsinn gu'n robh toil aige a roinn dhe'n deoch fhaotainn. Thug mi dha an corr a dh' fhag mi, agus dh' ol e h-uile deur dheth. O nach robh e 'cleachdadh a bhith 'g ol fiona, chuir na dh' ol e a' mhisg air, agus thoisich e ri seinn 'se fhein a chrabhadh air mo mhuin mar gu'm biodh e toileach a dhol a dhannsa mar a chunnaic e mi fhein a' deanamh. Leis a h-uile upraid a bh' aig, thionndaidh an stamac aige, agus thoisich e ri cur am mach. Thug so air gu'n do sguir e dhe mo theannachadh le lamhan 's le chasan. An uair a chunnaic mi so, thilg mi bhar mo mhuin e; agus o nach robh de luths ann na ghluaiseadh as a' bhad an robh e, bhuidh mi clach mhor air anns a' cheann, agus marbh mi e.

Cha robh mi riamh cho toilichte 's a bha mi an uair a fhuair mi a lamhan na seana bheiste. Thug mi m' aghaidh air a' chladach, agus an uair a bha mi greis a' coiseachd air bruaich a' chladaich, thachair sgiobadh luinge rium a bha'n deis a dhol gu tir a dh' iarraidh uisge. Ghabh iad ioghnadh gu leor an uair a chunnaic iad mi; ach is ann a bha 'n t-ioghnadh orra an uair a dh' innis m' dhaibh a h-uile car mar a thachair dhomh anns an eilean.

"Fhuair seana bhodach na mara greim ort," ars' iadsan, "agus is tu a' cheud fhear riamh a fhuair as a lamhan gun a bhith air a thachdadh. Cha do dhealaich e ri duine riamh air an d'fhuair e greim gus an do chuir e as dha. Tha 'n t-eilean so ainmeil leis na chuireadh de dhaoine gu bas ann. An uair a theid marsantan is maraichean air tir ann, cha dana leotha a dhol astar sam bith o 'n

chladach mur bi aireamh mhath dhiubh comhladh.

An uair a dh' innis iad so dhomh, thug iad leotha mi gu bord. Nochd an sgiobair mor chaoimhneas dhomh an uair a dh'innis mi dha mar a thachair dhomh anns an eilean. An uair a chaidh sinn air bord, sheol sinn, agus an ceann beagan laithean rainig sinn baile-puirt.

Nochd fear dhe na marsantan a bh' air bord caoimhneas dhomh, agus thug e orm a dhol gu tir comhladh ris, agus a dhol do'n aite anns am biodh marsantan a' coinneachadh ri cheile. Thug e dhomh poca mor, agus dh'iarr e orm falbh ann an cuideachd nan daoine a bhiodh a' cruinneachadh nan cnothan-coco. "Ma 's math leat a bhith sabhailte," ars' esan, "leanaidh tu iad agus ni thu a' cheart rud a chi thu iad fhein a' deanamh." An uair a thuirt e so, thug e dhomh biadh, agus dh' fhalbh mi comhladh riutha.

Rainig sinn coille mhor anns an robh craobhan a bha anabarrach direach, ard. Bha na bunan aca cho lom 's nach robh e an comas do dhuine sam bith direadh annta. B'e craobhan-coco a bh'annta gu leir; agus an uair a rainig sinn iad, chunnaic sinn aireamh mhor de mhoncaidhean dhe gach meudachd. Cho luath 's a mhothaich iad dhuinn theich iad, agus shreip iad suas gu mullach nan craobh le luaths a chuir ioghnadh orm. Chruinnich na daoine a bha comhladh rium

[TD 299]

[Vol. 6. No. 38. p. 3]

clachan, agus thoisich iad ri'n tilgeadh air na moncaidhean a bh' ann am mullach nan craobh. Rinn mise mar a bha cach a' deanamh; agus mar olcas ruinn, thoisich na moncaidhean ri tilgeadh nan cnothan-coco a nuas oirnn chum 's gu'm bristeadh iad ar cinn 's ar cnamhan. Bha sinn a' cruinneachadh nan cnothan cho trang 's a dh' fhaodamaid, agus o am gu am bha sinn a' tilgeadh nan clachan suas gus corruich a chur air na moncaidhean. Bha sinn leis na cleasan so a' lionadh nam pocannan leis na cnothan-coco, agus b' e so an aon doigh air am b' urrainn duinn am faotainn.

An uair a chruinnich sinn gu leor, thill sinn do'n bhaile, agus cheannaich na marsanta uam na cnothan. "Lean romhad," ars' esan, "agus dean a h-uile latha mar a rinn thu'n diugh gus an coisinn thu de dh'airgiod na phaigheas do rathad dhachaidh.

Thug mi taing dha air son na comhairle a thug e orm. An uine gun bhith fada choisinn mi deadh shuim air na chruinnich mi de chnothan-coco.

Dh'fhalbh an long air an deachaidh mi do'n eilean as an acarsaid, agus i luchdaichte le cnothan-coco. On a bha duil agamsa ri luing eile, cha d' fhalbh mi comhladh ris na marsantan. Thainig an long ris an robh duil agam. An uair a fhuair na marsantan air bord gach ni a bha iad a' toirt leotha, fhuair mise mo chuid chnothan a chur air bord mar an ceudna. An uair a bha i deiseil gu falbh, chaidh mi

'ghabhail mo chead de'n mharsanta a bha cho caoimhneil rium, o nach robh e deiseil gu falbh air an luing comhladh rium.

Sheol sinn rathad nan eileanan anns am bheil am peper a' fas. Tha luchd-aiteachaidh an eilean so anabarrach stuama, deadh-bheusach. Cha'n ol iad fion idir, ni mo a ni iad gnìomh mi-chliuiteach sam bith.

Thug mi seachad na bh' agam de choco anns na h-eileanan so air son pepeir agus fiodh alois, agus chaidh mi comhladh ri marsantan eile a dh' iasgach neamhnuidean. Thug mi tuarasdal do dhaoine gus a dhol thun a' ghrunna 'g an iasgach, agus fhuair iad dhomh feadhainn a bha anabarrach mor agus luachmhor. Bha mi gle riarichte leis an doigh anns an do shoirbhich mo ghnothach leam. Chaidh mi air bord luinge a bha 'seoladh gu ruige Balsora. As a sin thainig mi do Bhagdad, far an d' fhuair mi suim anabarrach mor de dh' airgid air son na bh' agam do pheper, de dh' fhiodh alois, agus de neamhnuidean. Thug mi an deicheamh cuid dhe na bhunaich mi seachad mar dheirc, mar a b' abhaist dhomh a dheanamh an uair a bha mi 'tilleadh dhachaidh bhar mo thuruis. Agus a chum an sgios 's an saruchadh a bh' orm an deigh mo thuruis a chur dhìom, bha mi 'caitheamh mo bheatha le subhachas, agus leis gach toil-intinn a bha freagarrach air mo shon.

An uair a chuir Sindbad crìoch air a naigheachd, dh'ordaich e ceud bonn oir a thoirt do Hindbad, anns dh'fhalbh e fhein agus gach aon dhe na h-aoidhean eile dhachaidh.

(Ri leantuinn.)

SEONaid OG AGUS A MAIGHSTIR.

Tha cuimhn' agam-sa air bean-tighe 'bhi aig Fear Bhaile-nan-Sop, bho chionn fhada 'n t-saoghail, ris an abairteadh Seònaid Og. Bha 'n tuathanach fhéin 'n a sheann duine, a' dlùthachadh gu math air tri-fichead bliadhna; ach cha robh e riamh cho fortanach agus tachairt air boirionnach air an d' thugadh e suil, no a bheireadh suil air. Coltach ri ioma fear eile d'a sheorsa, cha 'n fhaigheadh e an fheadhainn a ghabhadh e, 's cha ghabhadh e an fheadhainn a geobhadh e. Bha mar so riaghladh an tighe uile a' tuiteam air Seònaid, nighean òg,—tha mi 'creidsinn gur h-i 'b' òige de na seirbhisich uile. Bha i fortanach agus gu 'n robh a dol aice air na seirbhisich eile 'chumail air a laimh, bha spéis ac' uile dhi-agus, aig a' cheart àm, air tlachd agus meas a maighstir a chosnadh. Bha earbsa mhor aig' aisde, agus gu minig chuireadh e a chomhairle rithe mu dheighinn a ghnothaichean. Bha Seònaid greis mhor mar so ann an seirbhis an tuathanaich 'n uair a thòisich boirionnach a bh' anns a' choimhearsnachd air droch fhathunn a thogail oirre fein 's air a maighstir. 'S e 'thug air a' bhoirionnach so an seanachas a thogail, gu 'n do chuir i fein a suil anns an tuathanach, agus bha a h-uile fiughair aice gu 'm pòsadh e i; agus 'n uair a chunnaic i gu 'n deachaidh a' chùis 'n a h-aghaidh cha b' urrainn di dad a dheanamh ach droch ainm a sgaoileadh eadar e fein 's a bhean-tighe. Thainig na gnothaichean so mu dheireadh gu clusan an tuathanaich fhéin—ach

faodaidh sibh a bhi cinnteach gu 'n robh, cha 'n e 'mhàin suim mhor aige d'a chliu fein, ach mar an ceudna do chliu Seònaid, smaointich e nach b' urrainn da na b' fhearr a dheanamh 'na chur mu choinnimh Seònaid, e fein a phòsadh. Bha iad eòlach air a cheile agus bha fios aige gu 'n deanadh i an deagh bhean da. 'N uair a thainig am beag sgeul gus am mor sgeul, cha chluinnteadh facal fad na dùthcha ach mu phòsadh an tuathanaich agus Seònaid-Nach i bha fada 's a' cheann 'n uair a rinn i 'n gnothach air! Nach b'i mo ghalad i 'n uair a mheall i 'n seann-duine! Cha robh i clì 'n uair a chaidh aice air a ribeadh! Dh' iarr bana-choimhearsnach oirre, aon latha, innseadh dhi ciamar a thainig an gnothach mu 'n cuairt, agus so agaibh an cunntas a thug i seachad air, facal air fhacal.

"So, so!" ars' a bana-choimhearsnach, "trothad agus innis dhomh, 'nis, ciamar a thachair an rud a th' ann-dé fios nach faod tuiteamas a bhi orm fhein latha air choreigin. Cha 'n eil fios againn idir de 'tha romhainn, 's cha mhisde sinn an rathad innseadh dhuinn, 'nuair nach aithne dhuinn fhein ceart gach lùb 'us fiaradh a th' air."

"Gu dearbh," arsa Seònaid, "'s beag a tha ri innseadh uile gu leir. Bha mo mhaighstir air falbh aig an fhaidhir aon latha, a' reic nan uan, agus bha e car gle anamoch mu 'n d' thainig e dhachaidh. Cha b' abhaist da fuireach air falbh anamoch uair 's am bith, chionn bha e 'n a dhuine cho faicilleach 's a dh' iomain spréidh. 'Nis tha thu faicinn, 'n uair a thainig e, bha e 'n a bu chridheala na chunna mi o bho chionn fhada; bu choltach gu 'n d' fhuair e margadh math do na h-uain, agus 'n uair a bhios sin mar sin 's coir leithsgeul duine 'ghabhail. A dh' innseadh na firinn duit dh' aithnich mi air a shuil gu 'n robh deur beag air. B' abhaist domhsa riamh 'n uair a bhiodh e air falbh, fuireach air mo chois gus an d' thigeadh e dhachaidh; agus 'n uair a thainig e 'n oidhche so, bha a shuipeir deas, glan agam roimhe. 'A Sheònaid,' ars esan,—agus shaoileadh tu gu 'n do bhruidhinn e car na bu,—seadh, na bu chairdeala na b' abhaist da. 'De b' àill leibh,' arsa mise. 'A Sheònaid,' ars esan, 'ciamar a bha cùisean a' dol air aghart bho 'n a dh' fhabh mi. Tha 'h-uile rud air dòigh tha mi 'n dòchas.' 'Tha, a h-uile rud, le 'r cead,' arsa mise. 'Tha sin gasda, tha sin gasda,' ars' esan, air a shocair fhéin. Chnìotaich e mi air mo ghuala, agus thuirt e rium gur 'h-e caileag mhath a bh' annam. 'N uair a dh' innis mi da a h-uile rud a thachair ré an latha, mar a' b' àbhaist domh a dheanamh a h-uile h-oidhche 'n uair a thigeadh e dhachaidh, chnìotaich e 'rithist mo ghuala 's thuirt e gu 'n robh e fortanach mo leithid a bhi aige timchioll an tighe. Cha chuala mi e 'g ràidhinn an urrad so rium fhéin riamh, ged is tric a theireadh e air mo chùl e. Shaoil mi, gu dearbh, nach robh e buileach 'n a thùr fhéin. 'N uair a chuir e crìoch air a shuipeir thòisich e air feala-dha, 's e 'g ràdhainn gu 'n robh mi 'n dà chuid 'n am chaileig mhaith agus bhòidhich. Bha fios agam nach 'eil daoine 'm bitheantas mar iad féin 'n uair a thilleas iad 'bhàrr féille, agus gu 'n abradh iad rud no dha nach abradh iad aig amannan eile. Mar sin dh' fhàg mi oidhche mhath aige 's dh' fhalbh mi.—'Dé! Och, och! 'dé 'tha thu 'g ràdhainn? Cha d' fheuch mo mhaighistir ri pòg fhaotainn bhuam idir; bha e na bu mhodhala na sin."

"Latha no dhà an déigh so thàinig mo mhaighistir far an robh mi. 'A

Sheònaid,' ars' esan. "'Dé b' àil laibh?' arsa mise, 'Thig a stigh an so,' ars' esan, 'tha toil agam bruidhinn riut.' 'Théid an ceart uair,' arsa mise. Ghabh mi 'stigh far an robh e, 's mi 'smaointeachadh, fad na h-ùine, gu 'n robh e'dol a dh' innseadh dhomh rud-eigin mu dheighinn biadhadh nam muc, no mu dheighinn na caora a bha sinn 'dol a mharbhadh, no rud-eigin mar sin.' Ach 'n uair a dh' iarr e orm suidhe, dh' aithnich mi gu 'n robh rud-eigin sonruichte air aire; 'chionn cha d' iarr e orm suidhe riamh roimhe ach aon uair, agus b'e sin 'n uair a bha e 'dol ga faidhir na h-Eaglaise-brice. 'A Sheònaid,' ars esan, 'tha thu, 'nise, ùine mhath agam 'n a d' sheirbhiseach,-'n ad dheagh sheirbhiseach, agus 'n ad sheirbhiseach dileas. Bho 'n a bha thu 'n ad sheir-

(Air a leantuinn air taobh 302.)

[TD 300]

[Vol. 6. No. 38. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 18 MART, 1898.

Tha Breatunn a' deanamh deisealachadh mor air son cogaidh, barrachd 'sa rinn i o chionn àireamh bhliadhnaichean. Aig an àm so tha e gle choltach nach eil cogadh fad as anns am feum Breatunn a cuid fhéin dhe'n iomairt a dheanamh, agus tha i cur roimpe nach tigear oirre gun fhios d'i. Tha àireamh de shoithichean cogaidh ùra aice 'gan togail agus tha sia mìle duine ri bhi air an cur ris an arm-mhara air a bhliadhna so. Tha neart na h-Impireachd Bhreatunnach air a mhuir; ma chailleas i air a mhuir, cha'n urrainn dhi gun chall air tir. Faodaidh an t-arm-tire feum nach beag a dheanamh ann an iomadh cearna dhe'n t-saoghal, ach 's ann aig an arm-mhara a bhios a chuid

a's motha dhe'n obair a dheanamh. Tha 'n Riaghladh an deigh muillean gu leth punnd Sasunnach a chur air lath' airson neartachadh an airm-mhara a bharrachd air na b' àbhaist bliadhnachan roimhe; 'nuair a thainig sin fa chomhair na pàrlamaid air an t-seachdain s'a chaidh, chaidh aontachadh ris gu h-aon-ghuthach.

Ged nach eil a phlàigh cho marbhtach anns na h-Innsean 'sa bha i tha i dona gu leòr ann an ceannan dhe'n dùthaich fhathast. Tha i gle dhona ann am Bombay. Tha luchd-riaghlaidh a bhaile deanamh na dh' fhaodas iad gus a cur fodha, ach tha 'n sluagh gu bitheanta a' cur 'nan aghaidh. Toiseach na seachdain s'a chaidh, bhris na Mahometanaich 's na Hindùnaich a mach ann an ceannairc; fhuair iad lamh an uachdar air maoir a bhaile, agus b' fheudar an t-arm a thoirt a mach gus an toirt gu striochdadh, agus bha àireamh dhiubh air am marbhadh. Tha e doirbh casg a chur air an tinneas 'nuair a tha 'n sluagh cho aindeonach air a bhi umhail do riaghailtean a thatar a deanamh air son am math fhéin.

'S i 'n taois bhog a ni más rag.

Bha dùil againn gu robh creideamh nam Mormons air a dhol bàs, no gle fhaisg air. Bha 'chuid mhor ci-dhiu dhe'n bharrail nach robh Mormons ri 'm faotainn ach a mhàin ann an Utah, ach tha e air innse an dràsda gu bheil ceud mìle dhiubh ann an Ontario, an teis-meadhon ar dùthcha fhéin. Tha moran bheachdan agus chleachdaidhean cronail aig na daoine so; am measg nithean eile tha e na chleachdadh aig na fir a bhi pòsda ri barrachd us aon mhnaoi, ri àireamh sam bith a thogras iad. Tha sinn an dòchas, ma thòisicheas iad air iad fhéin a chur an céill anns an dòigh sin, no air dòigh chronail sam bith eile, gu'n dean an lagh gabhail m' an cùl, agus toirt dhaibh ri 'thuigsinn nach fhaod iad a bhi anns an dùthaich so mur giùlain iad iad-fhéin mar dhaoine Criosdail-a toirt ùmhachd do lagh Dhé agus dhaoine.

Tha Pòl Cruger a rithist air a thaghadh 'na Riaghladair air an Transvaal. Tha e 'n deigh àrd-bhritheamh na dùthcha a chur á dreuchd, a chionn nach toireadh e breith a reir mar a a dh' iarradh esan agus a phàrlamaid air. Tha Cruger 'na dhuine 'tha 'm bitheantas dìreach, ceart, ach tha e air uaireannan a' deanamh nithean nach eil aona chuid dìreach no ceart. Tha e air son a bhi air an stiùir ge b'e doigh air am faigh e ann, agus tha e an sin air son a dhòigh fhéin a bhi aige gu h-iomlan.

Ann an ùine ghoirid tha romhainn a chlo-bhualadh, cùntas aithghearr air beatha agus obair an t-sàr Ghàidheil nach maireann, Alasdair Mac Coinnich, air a sgrìobhadh le "Cona," sgrìobhadair air am bheil ar leughadairean a nise gle eòlach. Cha bhiodh e iomchuidh dhuinn bàs duine cho iomraiteach a leigeadh seachad gun ionnsuidh a thoirt air air eachdraidh a bheatha innse ann an cainnt a dhùthcha, cainnt air an robh meas mor aige, agus d' an robh e 'ghnàth dìleas.

Cha'n eil a nise teagamh sam bith nach eil na liberals ann air dreuchd an Ontario. Tha eadar seachd us deich aca bharrachd air càch, agus tha dùil aca gu'n teid tuilleadh ris an àireamh an ùine gun bhi fada. Chaidh sàbhaladh gle chaol orra, agus 'se 's dòcha

nach misde 'n dùthaich sin idir; bidh iad na's faiceallaiche ann an riaghladh na mor-roinne na bhitheadh iad, ma dh' fhaodte, nan robh iad na bu làidire na tha iad.

Tha caraid ag iarraidh oirnn an t-òran "Tha mo rùn air a' ghille" a chur 'sa phaipear. Bhitheamaid an comain neach sam bith a chuireadh an t òran ugainn. B' abhaist do ar caraid a bhi gle eòlach air an òran so an làithean òige, ach air dha a bhi fad air falbh á tir a dhùthchais 's a còmhnuidh am measg nan Gall, chaidh e air diochuimhn' air, 's tha e air son ionnsachadh a rithist.

B'e 'n dé Latha Fhir Padruig, agus bha e air a choimhead anns a bhaile so mar a b'abhaist.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr tàillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige neo sgrìobh uige.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 301]

[Vol. 6. No. 38. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Sgaoil tigh na pàrlamaid ann á Halifacs a sheachdain gus an diugh.

Air la na Sabaid s'a tighinn (an 20mh) bidh an latha 's an oidhche an aon fhad. An deigh sin bidh an latha sior fhàs fada 's an oidhche 'fàs goirid.

Fhuair fear <eng>Theophilus Smith<gai>, a mhuinntir Digby, coig bliadhn' deug dhe 'n tigh-obrach ann an <eng>Lowell, Mass.,<gai> air son ionnsuidh a thoirt air teine chur ri thigh fhéin. Is duin' e air an robh fìor dhroch cliù.

Thatar a' glacadh moran sgadain anns a Bheighe 'n Ear air a' gheamhradh so; bha an t-iasg gle phailt. B' àbhaist geamhraidhean roimhe so a bhi glacadh sgadain ann an acarsaid Shidni, ach o chionn bliadhna no dha cha d' thainig an t-iasg rathad na h-acarsaid so idir.

Di-satharna s'a chaidh, chaochail Mr. Dupont, aon de bhuill na h-ard-phàrlamaid. Chaidh a ghoirteachadh le sgiorrach da sheachdain romh bhàs, 'se gabhail turuis air an rathad-iaruinn. 'S e so an darra fear de bhuill na pàrlamaid a chaochail o'n dh' fhosgladh an tigh. B'e 'm fear eile, Mr. Parry, á <eng>West Prince,<gai> E. P. I.

Tha duine fuireach ann an St. Barnabe, an Cuibeic, d' an ainm <eng>Jaquet Lepage<gai>, agus an la roimhe bhaist e an treas duine fichead cloinne. Tha an duine còir a nise car aos la-ceithir fichead bliadhna 'sa ceithir-ach saoilidh sinn nach eil cùram sam bith gu 'n teid a chuid an t-saoghal a dholaidh an deigh a bhàis, oir tha oighreachan gu leòr gu bhi aige.

Bha side anabarrach briagha ann deireadh na seachdain s'a chaidh agus toiseach na seachdain so, ach o Dhi-màirt tha 'n aimsir na 's fhuaire agus na 's coltaiche ris an t-side is àbhaist do 'n Mhàrt a bhi toirt dhuinn. Tha an sneachda air falbh bhar nan sraidean cha mhor gu buileach, ach tha roinn mhath air feadh na dùthcha, agus tha cothrom aig na sleigheachan air a bhi falbh fhathast.

Chaidh murt brùideil a dheanamh ann am Montreal o chionn che'-la-deug air ais. Fhuair e Sasunnach d' am b' ainm Uilleam Coe marbh 'na sheòmar-cadail agus a cheann cha mhor air a phrannadh. Bha e mu leth-cheud bliadhna dh' aois. Chaidh am fear a tha cumail an taighe

anns an robh e a ghlacadh air àmhrus, ach cha 'n eil fhathast dearbhadh sam bith air fhaotainn 'na aghaidh.

Ann an <eng>Taunton, Mass.,<gai> bha aona ceud deug de luchd-obrach nam muillean-cotain 'nan tàmh o chionn treis a dh' ùine air ais, 's iad air son aobhar eigin a' diùltadh obrachadh. An la roimhe, an deigh dhaibh da fhichead mìle dolair a chall, chaidh iad uile air ais gu 'n obair, 's iad a reir coltais gle thaingeil an cothrom fhaotainn. Tha so a tachairt gu bitheanta anns na Stàitean, agus mar a's trice 's iad an luchd-obrach, na daoine bochda, a bhios a call.

Tha mèinnean òir Hogamah a' fas ainmeil, agus ma leanas iad air a dhol na 's fhearr, cha 'n fhada bhios iomradh idir air a' Chlondaic. Tha pàirt de 'n stuth a thatar a faotainn ann a Hogamah anabarrach beairteach; fhuair iad cho àrd ri sia ceud dolair de dh' òr á aon tunna. Tha cuid dhe 'n bhairil gu bheil an t-òr ri fhaotainn gu pailt anns na beanntainean fad an t-siubhail eadar Hogamah us Ceap Nor. Tha an t-Onarach Uilleam Ros ag innse gu 'n d' fhuair iad cnap òir aig Ceap Nor 'sa bhliadhna 1861 a cheud òr a fhuair iad air an eilean. Tha dòchas làidir gu bheil mèinnean òir ann a Hogamah agus an àiteachan eile an Ceap Breatunn a dol a thionndadh a mach gu math.

Tha seachd dhe na Stàitean a Deas anns nach ceadaich an lagh do dhuine dubh a bhi anns an aon charbad ri daoine geala. Tha ceann-fodha uamhasach air na daoine dubha anns na Stàitean ud.

Bha teine ann am baile Halifax air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha fear dhiubhsan a bha 'ga chur as air a leòn cho dona's gu 'n do chaochail e. Tha a bhantrach a dol a dh' fhaotainn mìle dolair air son a cumail suas.

Aig Loch Megantic, an Cuibeic, o chionn da sheachdain ais ais, chaidh tigh 'na theine, agus bha gille beag, aois choig bliadhna, air a losgadh gu bàs. Fhuair a mhàthair agus a' chuid eile dhe 'n chloinn as le 'm beatha, ach dh' fhairtlich orra esan a shàbhaladh. Bha 'n t-athair air falbh aig an àm.

Bha réis each air deigh na h-acarsaid so Di-satharna s'a chaidh. Fhuair each Challaghan an Sidni, a' cheud duais, each Mhic-Aonghais am <eng>Port Morien,<gai> an darna duais, agus làir Iain Mhic-Coinnich, an Sidni, an treas duais. Bha reòthadh trom ann oidhche Di-haoine, agus bha an deigh gle mhath, ged nach robhas idir 'ga meas tuilleadh us sàbhailte.

Tha sluagh mor a' dol a dhòrtadh a stigh do 'n Chlondaic air an earrach so. Tha mu cheud duine a dol troimh Mhontreal air an t-slighe do 'n àit iomraiteach sin, gach latha dhe 'n t-seachdain. Ghabh mu choig mìle deug duine an turus air an rathad-iaruinn C. P. R. o'n thainig a bhliadhn' ùr. 'S e 's dòcha gu 'm bi an t-àite air a lionadh gu math roimh mheadhon an t-samhraidh.

An deigh ùine mhor a chosg a labhairt mu 'n rathad-iaruinn a thatar a dol a dheanamh do 'n <eng>Yukon<gai>, chaidh a chùis a chur gu

bhòt Di-haoine s'a chaidh, agus ghleidh an Riaghladh le 39 bhòt a bharrachd. Mur cuirear grabadh sam bith air a "bhill" anns an t-Seanadh, bidh an rathad air a chur air adhart gun dàil a reir nan cumhachan a rinneadh leis an Riaghladh ri Mac Coinnich agus Mann.

Tha 'n t-Ard-riaghladh a' dol a chur da cheud saighdear do 'n Yukon, air son cuideachadh feum ail sam bith a thoirt do luchd-ceartais an àite ann a bhi gleidheadh sith agus ceartais eadar duin' agus duine. Tha an t-àite gle iomallach, fad-as, agus cha 'n eil teagamh nach doirt moran de dhaoine mi-rianail a stigh ann; tha e mar sin gle iomchuidh gu 'm biodh ionnsuidh cheart air a thoirt air lagh agus ceartas a riarachadh 'nam measg.

Tha an soitheach La Champagne gu bhi air a càradh ann a Halifacs. Bha i luchdaichte le sioda agus fion, agus b' fhiach an t-iomlan eadar muillean us da mhuillean dolair. Tha an luchd ri bhi air a thoirt gu Boston air soitheach eile. Chaidh soitheach eile, an Catalonia, a thoirt a stigh do Halifacs toiseach na seachdain sa chaidh 'sa h-inneal air bristeadh air doigh 's nach b' urrainn dhi gluasad ach mar a ghluaiseadh a ghaoth i. Bha i mar sin ùine mhath mu 'n d' rainig cuideachadh i. Bha àireamh mhor de luchd-turus aice air bòrd.

Air a cheud latha dhe 'n mhios so, thug coithional Mhira gibht luachmhor-soithichean-ti airgeid-do 'n Urr. Uilleam R. Calder agus d'a mhnaoi. An cois na gibhte so bha òraid air a h-òr-chlo-bhualadh a' nochdadh deagh dhùrachd a choithional dha mar aodhaire os an cionn, agus a' guidhe saoghal fada dha agus moran soirbheachaidh 'nam measg. Fhreagair Mr. Calder gu drùighteach a' toirt taing dhaibh air son an deagh dhùrachd dha fhéin 's d'a chéile, agus a' toirt iomraidh air gach sonas agus soirbheachadh a mheal iad cuideachd re nan deich bliadhna o'n thainig e 'nam measg.

BATHAR UR.

Moran de Churaicean Geamhraidh, eadar 10c. us \$5.00.

Brogan matha saor.

Ti mhath mar a b' abhaist.

Beagan de Cheannachd Thioram.

Olla 25c. an galan; 5 galain air \$1.00.

NIALL DOMHNULLACH,

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n ghnòthuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35
Orain Iain Luim

.35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son na pris ainmichte.

Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

[TD 302]

[Vol. 6. No. 38. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 299.)

bhiseach cho math, 's tric a bha mi 'smaointeachadh gu 'm biodh tu 'n ad bhean na b' fhearr uile. 'Bheil dad agad an aghaidh pòsaidh, a Sheònaid?' 'Cha 'n eil fios agm, a le 'r cead' arsa mise; 'cha 'n urrainn do dhuine 'radh ciamar a chordas gnothach ris gus am faic e 'de a tha e 'dol a dh' fhaighinn.' 'Ma ta, a Sheònaid,' ars esan, 'tha thu gle cheart an sin a rithist. Bha thu agam-sa 'n ad sheirbhiseach bho chionn, a nis, coig-bliadhn'-deug, 's cha 'n fhiosrach mi gu 'm b' urrainn domh riamh a bheag de choire fhaotainn duit. Bha thu cùramach, deanadach, onorach, agus—. 'O, le 'r cead,' arsa mise, 'bha mi air mo phaigheadh air a shon, agus cha robh ann ach an rud bu choir dhomh a dheanamh.' 'Tha sin fìor,' ars esan, 'ach tha toil agam easg a chur air an droch ainm a thog Mor-Nigh'n-Uilleim orm fhéin 's ort fhéin, agus a tha 'nis am beul a h-uile duine; leis a sin air son beul an t-sluaigh a dhùnadh, 's e 'ni mise 's thusa-pòsaidh sinn.' 'Direach sin,' arsa mise:--'de b' urrainn domh 'ràdhainn?'

"Thainig mo mhaighstir a stigh far an robh mi làth' eile, cas 'n a

dheigh so, 's thuirt e rium fhéin—'A Sheònaid,' ars esan. "'De 'b' àill leibh?' arsa mise. 'A Sheònaid,' ars esan, 'tha mi 'dol a' chur a stigh nan gairmeannan an diugh, air son na Sàbaide so 'tighinn.' 'Direach sin,' arsa mise."

"Mu sheachdain an deigh so thuirt mo mhaighstir rium—'A Sheònaid,' ars esan. 'De 'b' àill leibh,' arsa mise. 'Tha mi 'smaointeachadh,' ars esan, 'gu 'n cuir sinn seachad am posadh air Di-haoine so 'tighinn, mur 'h-eil dad agad 'n a aghaidh.' 'Direach sin,' arsa mise. 'Agus,' ars esan, 'theid thu 'stigh do 'n bhaile Di-luain, a cheannach gnothaichean na bainnse. Bha mi fhéin a' bruidhinn ris a' Mharsanta Mhor, 's bheir e dhuit ni 's am bith a dh' iarras tu. Cha 'n fhaigh mi dol a stigh leat air an latha sin, ach thoir fhéin leat a h-uile rud mar a thogras tu.'

"Chaidh mi 'stigh do 'n bhaile Di-luain, 'us cheannaich mi a h-uile rud beag a bha 'dhith orm; ach bha gu leoir de dh' aodach agam roimhe, agus cha robh toil agam a bhi struidheasach. Thug mi mo ghnathaichean a dh' ionnsuidh na ban-fhualaiche, agus fhuair mi dhachaidh iad air Dior-daoin."

Air oidhche Dior-daoin thuirt mo mhaighstir—'A Sheònaid,' ars esan. "'De 'b' àill leibh,' arsa mise. "'S e 'm màireach latha na bainnse,' ars esan, 'agus thoir an aire gu 'm bi a h-uile dad deas air son na suipearach, 'chionn tha fiughair agam ri cuideachd, agus bu mhath leam a h-uile rud a bhi 'n deagh ordugh. Faic fhéin a h-uile rud ceart.' 'Direach sin,' arsa mise."

"Cha do ghabh mi dad de shuim de 'n ghnothach gus a so; ach, a nise, smaointich mi gu 'm feumainn feuchainn ri deanamh cho math 's a dh' fhaodainn, air son gu 'n toilichinn mo mhaighstir agus a chuideachd. Mar sin fhuair mi a h-uile ni deas, agus glan, grinn. Shaoilinn nach biodh dad ceart mur biodh mo dha laimh fhein mu 'n cuairt air."

"Air maduinn Di-haoine thuirt mo mhaighstir—'A Sheònaid, ars esan. "'De 'b' àill leibh,' arsa mise. 'Falbh,' ars esan, "'s glan thu fhéin, 's bi 'faighinn an òrdugh. Bith'dh a chuideachd an so 'n ceart-uair, 's feumaidh tu 'bhi speisealta. Fanaidh tu anns an t-seòmar bheag,' ars esan, 'gus an teid fios a chur ort.' 'Direach sin,' arsa mise. Ach bha de ghnathaichean ri dheanamh, 's nach b' urrainn domh faighinn air falbh, agus bha a' chuideachd uil' air tighinn mu 'n d' fhuair mi m' aodach a chur orm."

"Thainig mo mhaighstir a stigh a rithist 's thuirt e rium mi 'bhi 'falbh gun tuille d'alach, 's mi fhéin fhaighinn air doigh, 'chionn bha 'm ministear a' teurnadh 'nuas 'dh' ionnsuidh an tighe. Mar sin b' fheudar dhomh a h-uile rud fhàgail aig na seirbhisich eile, agus dol a chur orm m' aodach caomhanta."

"'N uair a' bha feum ormsa, thainig fear Lag-an-Uinnsinn agus thug e mi 'stigh do 'n t-seòmar far an robh a' chuideachd uile, agus am ministear. Cha mhor nach deachaidh mi 'n laigsinn, 'chionn cha 'n fhaca mi an urrad de chuideachd cruinn bbo n a thainig mi 'stigh do 'n t-saoghal, agus cha robh fios agam c' àite 'n seallainn. Mu

dheireadh rug mo mhaighstir air laimh orm, 's dh' fhairich mi mi-fhein a' fàs na bu laidire. Thuirt am ministear fuathas, fuathas ruinn, ach cha 'n eil cuimhn' agam-s' air a dhara leth; 's rinn e 'n sin ùrnuigh. An deigh so shaoil mi gu 'n rachainn air bàinidh leis na thòisich air mo phògadh. 'S iomadh aon a chrath mo lamh gu càirdeil, ag guidhe sonais dhomh, nach fhaca mi riamh roimhe.

"An deigh do na gnothaichean so a bhi seachad, thug mise car-mu-luib asam a nuas am measg nan seirbhiseach eile, a dh' fhaicinn an robh an t-suipeir air dòigh cheart. Ach an ceann tiota co 'bha 'nuas ach mo mhaighstir. 'A Sheònaid,' ars esan, "'De 'b' àill leibh,' arsa mise. 'A Sheònaid,' ars esan, 'feumaidh tu 'nis a thuigsinn nach eil thu na 's fhaide 'n ad sheirbhiseach dhomhsa ach 'nad mhnaoi;' ars esan, 'agus leis a sin feumadh tu tighinn a nios agus suidhe comhla ris a' chuideachd.' 'Direach sin,' arsa mise. 'De, ma ta, a dh' fhaodainn a dheanamh ach falbh a sios 'us suidhe 'measg na cuideachd. Agus, a nis, a Mhàiri, sin agad a h-uile car timchioll na suiridhe agus a phòsaidh agam-sa.'"—Eadar. le LACHUINN MAC GILLEAIN.

Sean Fhacail.

Millidh dànadas modh.
Molaidh an t-each math e fhéin.
Chaidh dubhag ri dualchas.
Trod a' mheasain 's a chùl ri làr.
Théid dànadas gu droch oilean.
Tilg mìr am beul na béist.
Leig e 'n t-earball leis a' chraicionn.

Comhradh nan Gaidheal.

COMHRADH EADAR TEARLACH OG AS AN EILEAN SGIATHANACH, CALUM MAC FHIONNLAIDH A MHUILE, AGUS DUGHALL MAC GRIOGAIR A PHEAIRT.

Tearlach 's e na shuidhe 'n taigh osd' ann an Ionaraora a' feitheamh chaich agus iad air tighinn, ars esan—'S breagh an gnothuch so fhearaibh! So agaibh mise o' naoi uairean an raoir an geall coinneachadh mar a dh'iarr agus tha e nis còig uairean dhe'n fheasgar an ath latha, ciod e thainig oirbh idir, idir?

CALUM.—Stad, stad a bhobag? gus am fliuch Dùghall 's mi fhéin ar ribhideoan, 's gu dearbh sinn tha feumach air; an aite 'bhi talach oirnn gum bheil sinn fadalach 's ann a dh'fhaodas tu bhi cho toilichte 's tha sinne taingeil airson ruigheachd idir.

DUGHALL.—Mata' 'ghaolaich is maith a labhair thu, cha'n 'eil e cho fad bho'n bha mi fhéin an dùil gum fac' mi 'n sealladh mu dheireadh de bhean an taighe 's na pàisdean gun bhi tighinn air bus dubh Theàrlaich as an Innse ghall.

TEARLACH.—Seadh, seadh fhearaibh tha mi 'faicinn gum bheil sgeul agaibh ri aithris 's ri innse, 's bho 'n tha 'm bàta nis air falbh o

chionn fada agus nach fhaigh sinn carbad nan ceithir each gu maduinn am màireach, iarraidh sinn a staigh greim bidh 's drughag de'n Talamhsgeir—ma tha sin ri fhaotainn 'n so, agus 'nuair a lasas sinn ar pioban neo—ar—thaing mar éisd mise ribh gu meadhon oidhiche ma thogras sibh.

D.—Nis “mo chriosan” mar theireas iad san aite ghailbheach so, tha mise deis airson “one.”

C.—Agus mise cuideachd, ged nach abair mi airson “two,” 's fhearr leam 's mi 'bruidhinn na Gaidhlig a bruidhinn, tha gu leoir ann dhi.

T.—Sin thu Chaluim, 'se smior na firinn th' agad, 's 'nuair a gheibh sinn do sgeòil bheir sinn treis air pronnadh Dhùghaill air 'bhi maslachadh 's a salachadh a “Chainnt” leis a Bheurla, nuair nach fheudar

C.—Cha bu toil leam 'bhi tuilleadh is trom air Dùghall bochd, oir, mar is maith 'ta fios agads' a Thearlaich tha 'Ghàidhlig aige, ged is ann á Peairt tha e cha bhuin e do 'n bhaile, ach 'dé le bhi 'measgachadh le feadhach anns na cearnaibh sin de 'r dùthaich far an do chaill iad a Geàidhlig 's nach d' fhuair iad a Bheurla, tha Dùghall air tuiteam anns a chleachdadh ghrànnda sin—ach, so, so, laidhidh mi air innseadh dhuit mar dh' eirich dhuinn, agus ged nach toir mi leth uair na h—uaireach air aithris, gu firinneach saoilam gu 'm bheil e leth—bhliadhn' o'n sheas mi air cabhsair Ghrianaig an àite mu cheithir uaire fichead. Mata an deigh dhomh bàta—na—smùid fhàgail aig Grianaig bha Dùghall romham air a cheithe agus ultach aige de ghnòthuichean àraid mar shampuill air na bha dhith oirnn, mar is aithne dhuit, suas a ghabh sinn, agus an deigh moran chliobraich

[TD 303]

[Vol. 6. No. 38. p. 7]

'us ghleaduraich eadar da cheann an latha, fhuair gach ni reidh, 'us mach, an deigh ar bidh, a ghabhail sràide chaidh sinn, gus am biodh againn ris a bhàta 'ghlacadh gu tighinn an so, oir cha robh moran toileachadh ann a bhi suidhe a 'staigh, ach, O mo chreach! Cha b'e 'm bàt' a ghabhail bha 'n dàn duinn, oir dìreach 'nuair bha sinn air te dhe na caol—shràidean, 'de 'mhi—shealbh chuairtich sinn ach sgoath do chrochairean ag eigheach 's ri gleadhraich bha oillteil; sheas sinne air ar n'ais ann an tranntsa bh' aig laimh, gus am faigheamaid cuibhteas iad, ach cha robh sin cho soirbh, oir dìreach mu choinneamh an doruis sheas na gràisgean a' cagnadh 's a' canradh ri chéile, gus mu dheireadh rinn sinn a mach gun deach uaireadair òir a ghoid air fear dhiu, agus gun robh aon fhear a stri ri 'cheur air fear eile, 'bha a rithist ag agairt gum b'e gille mor Gàidhealach bha sin a ghoid an t—uaireadair; cha robh, an sin, ach do 'n ghille 'bhi nam bad, agus gu dearbh bu mhaith thigeadh sin da, ach ann an àird' an t—sabaid, thachair rud nach 'eil tric a tachair aig a leithid a dh' am—thainig am “Police,” ach ann an làn neart,

agus 'an greim bha leth dusan dhiubh co dhiu, 's an gille mor nam measg, 's chuir sinne romhainn ar casan a thoirt asainn, ach 'nuair a bha sinn an los sin a dheanamh 'de chunnaic sinn ach an ceart fhear a bha sparradh air an fhear a chaill an t-uairadair gur e 'n gille mor a ghoid air e, ag cuir an uairadair ann am pòcaid a ghille mhoir, a bha fosgailt farsuinn aig an àm, 's gu dearbh bu sgiobalta, seolta, rinn e sin, gun fhios da; sheall mis' air Dùghall 's sheall esan ormsa, ach cha d' thubhairt sinn a bheag gus an deach na bh' ann seachad, agus an sin arsa sinne comhla' "Am faca tu sin?" A Right! chunnaic, agus cha robh nis ach an leantuinn gus ar teisteanas a thairgse air taobh ar fear-dùthcha an gille mor bochd neochiontach gus a shaoradh agus am meirleach a chur an greim nam b' urramaid, agus aig dorus an t-seòmar-lagha, bheachdaich sinn air an fhear a rinn mar thubhairt mi, 'toirt oidhirp air snagadh air falbh, 's a chasan thoirt as an ribe, ach ach rinn mise sanas ri fear do luchd nan cotaichean gorma agus thug esan a cheart aire gun deach e 'staigh còmhla ri càch. Is e 'n gille mor a chaidh a cheasnachadh an toiseach, agus 'nuair a chunnaic sinne nach do ghabh iad 'fhacal, bho 'n fhuair an uairadair na phocaid, nach b' esan a ghoid e, ged' dh' aidich e gun d' rinn e beagan sabaid-sheas sinne air ar n-adhart gun tuille daileach, ach ma sheas, b' fhiach dhuit 'bhi ann ach am faiceadh tu cho glas-neulach 's a dh' fhas aodainn an fhir 'bha 'cuir nam breugan air a ghille choir. Gu sgeul goirid 'dheanamh dheth, ged' fhuair an t-uairadair 'am pocaid a ghille, bha 'n teisteanas 'thug sinne tuille 's dearbhach, agus bha e saor ann an leth uair o thighinn a staigh, agus mach a ghabh sinn na 'r triuir, an deigh dhuinn ar n-ainmean 's an aite 's am faightear a rithid sinn fhagail aig a' Chléireach; ghabh sinn beannachd leis a ghille mhoir, 'bha anabarrach taingeil, agus mar bu dual, deonach agus an geall air drama sheasabh co dhuibh, ach, bho na bha leithid a chabhaig oirnn cha robh doigh air fuireach, agus b' fheudar gabhail thun a cheithe gun stad-ach 'se sin a bh' againn air a shon-oir, air ruigheachd dhuinn, bha 'm bat' air falbh 's cha robh againn na 'r dithis ach Baile Mhòid thoirt oirnn cho luath 's a fhuair sinn cothrom, coiseachd á sin suas taobh a chaolais, aiseag Chaol-an-t-snaimh a ghabhail 's coiseachd e sin gu Shra'churra-ceum no dha tha mi 'g radh riut-agus 'bhi air ar n' aiseag thar an loch ud a muigh gu so, agus Dunach air! se chraidh sinn. Mar tha mi cinnteach is aithne dhuit gu maith, bha side fiadhaich ann an raoir 's an diugh, ged tha feath geal a nis ann, agus cha ghluaiseadh Eachann greannach g' ar n' aiseag cas, ach, rag mar a bha e, b' fhearr dha fhein 's dhuinne gur ann nis raige bhiodh e, oir leis an ùpraid a rinn sinn ag iarraidh air am bata chuir a mach gus sinn a chur thar an loch, ghluaiseadh e mu dheireadh an aghaidh a thoil ri leithid a shide 's ri uair cho gailbheach; cha robh anns a' bhata ach ceathrar dhinn agus, is cinnteach gur e 'Ni Maith chuir ann iad, faisg air a lan a dh' acraichean airson na lin sgadain a cheangal ri chéile, leis na bh' ann dhiu cha robh Eachann airson bhi aig an dragh an cuir a mach, na clachan 'chuir a staigh gus an eathar a chothromachadh gu ceart mar b' àbhaisd 's mar bu choir, no aite socrach a dheanamh dhuinne ni 's mo. Fath ar mulaid! oir cha robh sinn leth na slighe ma dh' fhaodas mi sin a radh, thar an loch, an deigh na siuil a chuir rithe, nuair thainig a ghaoth cho cruaidh 's ged leig Eachann ruith leis an sgoid, sud air a cliathaich i mas sealladh tu bhuat,

an crann na dha leth, 's sinne a plubartaich timchioll 's a greimeachadh air a cheud rud a b' fhearr a gheibheamaid. Sios an loch chaidh ar fuadachadh gus an d' thug iad an aire dhuinn, oir neo chual iad sinn air tir, oir rinn sinn sgairt an drasd 's a rithist, agus thainig bàta a mach o 'n Fhurnais 's chaidh ar saoradh, ar cuir air tir agus ar tiormachadh, ach chaill sinn ar pocannan tha eagal orm, mar d' fhuair iad an ceangal ris an tota mar d' fhàg sinn iad—Choisich sinn a chuid is mo dhe 'n rathad o'n Fhurnais gu so; agus sin agad ciod e chum gu'n ruigheach gu so sinn!

T.—Dhia beannaich mi! fhearaibh sibh a bha bh' anns a chrois 's anns a channart air muir 's air tir da-rìreadh, ach tha mi 'n dochas gu'n teid sibh os a chionn agus gum faigh sibh na bhuineas dhuibh fhathasd.

D.—Nam b' ann an loch Tagha a thachair a leithid nam b' urrainn sinn a bhi air an loch briagha ciuin sin, dh' fhaodadh duil a bhi againn gu'm faightear ar pocannan; ach anns an loch ud a muigh a tha lan chuan—choireachan 'us shlagan, far am bheil an sruth 'ga thoinneamh gu garg faobhagach, sluigidh e leis gach uile ni eadar bheag 'us mhor air am aaigh e greim—"Bithidh dùil ri fear feachd, ach cha bhi duil ri fear lic."

C.—Tha sruth an sin gu dearbh ged is beag e'n coimeas ris an t-sruth agus an cuan—choire th' eadar Diùra 'us Sgarba—Coire Bhreacain.

D.—Coire Bhreacain ann no Coire Bhreacain as, cha mharaiche mi 's cha 'n fhearr leam a bhi; tha Loch Fine, mar a chunnaic mis i, gu leòir air mo shonsa. Chunna' mi de shumaidean 's de stuaidnean mhorlannach, le 'm beulan 's la culan mar their sibhse tha suas ris a mhuir mhoir, na dh' fhoghnas dhomh ri m' shaoghal.

C.—Cha 'n eagal duit a ghoistidh! Cha bhi cuimhn' agad air mu 'n àm so 'màireach, 's beag sin an coimeas ris gach gàbhadh 'us cunnart troimh an deachaidh Teàrlach fhéin a sin, nis o chionn coig bliadhna thar fhichead 'us còrr; chuala mi <eng>"yarn"<gai> no dha aige air na chunnaic 's na dh' fhhiling e, agus bho 'n tha 'n oidhche òg fathasd' dh' fhaodadh e fear thoirt dhuinn a chuireadh Loch Fine as do chuimhne.

(Ri leantuinn.)

Joseph A MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C. B.

<eng>Siosal & Crowe,<gai>
Fir-Tagraidh, Comhairlichean Notairean &
SIDNI, C. B.
CAILEAN SIOSAL. W. CROWE.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 304]

[Vol. 6. No. 38. p. 8]

Oran do Mh----g.

Tha mo chridh' air a mhuchadh,
Tha mi bruite 's gach àm;
Cha 'n eil doigh air bhi sunndach
Tha mo shugradh air chall.
'S ann tha culaidh mo shugraidh
A toirt a cul rium 'san àm,
Cuilin donn na suil du'-ghorm
A rinn mo chiuileadh 's gach àm.

Tha mo chion air a chailin
Bean na meall shuilean mo'ar,
Tha do shlios mar an canach
Na mar eal' air an lon.
Gur a buidhe dha 'n leannan
A mheallas do phòg,
Bu righ mi air talamh
Na faighinn ort coir.

Bha mi eolach air t' abhaisd
'S tu 'nad phaisde beag, òg,
Gur a boidheach a dh' fhàs thu

Mar fhlur an garadh, gun fhot.
Cha robh drochbheirt a fas riut
Cha robh ardan na prois,
Ach go h-iriosal, cairdail,
Lan do mhanran 's do spors.

Tha thu caoimhneil ri caraid,
Tha thu banail 's gach uair;
Air gach te, tha mi 'm barail,
Thug thu barrachd an uaill.
Pearsa dhireach gun chamadh,
Aghaidh bhanaile 's glan snuadh,
Suil chaoine is tlath sealladh
Fo chaol mhalla gun ghruaim.

Cha 'n eil feum dhomh 'bhi gearain
Ged nach faigh mi thu 'luaidh,
Tha reusan bhios maireann
Ga do chumailsa bhuan.
Mar a bith dhomh 'bhi 'm banneabh
Air mo sparradh cho cruaidh,
Cha 'n eil air an talamh
Na chumadh thu bhuan.

'Nuair a chunnaic mi 'n tus thu,
Laidh mo shuil ort-gu bochd!
Gur a beusach do ghiulain
'S tha do chliu gun aon spot.
Bidh mi 'n comhnuidh ag urnuigh
Gun thu lubadh le broc,
Ach le uasal bhios ionnsaicht'
Agus cliuiteach, gun lochd.

Ach, a chaileag ro mhodhar,
Is boidhche na each,
B' fhearr na 'saoghal le stòras
Leam coir air do laimh.
'Se do ghliocas do bhoidhchead
'S do [?] àrd,
Do ghrinneas is d' fhoghlum
A rinn mo leonadh gu brath.

AN GILLE GLAS.

An t-Earrach.

LE R. MAC 'ILLE-BHAIN, NACH MAIREANN.

An toiseach an Earraich bidh an t-oran a' fàs
Mar chinnsas na lus an am broilleach a' bhlàis;
Tha nàdur 'fas ait, dh' fhalbh aobhar a' bhròin-
Nach cluinn thu na chleirean sheinneas na h-eòin.

Tha 'n Geamhradh air teicheadh o 'n Deas chum an Tuath,
'S an àite fuachd feannaich am blàs 'faotainnn buaidh;
'S na buidhnean chlach-mheallain bha sgaiteach o chéin
Air leaghadh gu tlàs ann an dearsadh na gréin'.

Tha 'ghrian nis a' sgaoileadh a gairdein a mach;
O'n Ear gus an Iar tha i 'g iarraidh mar theach;
'S an t-sòbhrag bha greis uainn a' folach a cinn,
Le caomh mhais' tha breacadh a' mhonaidh 's a' ghlinn.

Ach Earraich, ged chaidh uait na baideil air chall,
'S a dh' fhàg iad an Ard-thìr 'us còmhnard nan Gall,
Dean faicill mar ghaisgeach 's na smuainich air suain,
Mu 'm pill iad mar fhithich a mhilleadh nan uan.

Tha 'n t-airean gun euslain a' reubadh nan cnoc,
'S a' tionndadh nan neòinean measg ùir anns a' ghlaic;
Fear eile gu sùrdail a' sgapadh an fhrois,
Agus each 'us cliath-chliata 'nan deann aig a chois.

Tha barr-ghucag an Fhoghair ag at air a' chraoibh,
'S lith-uain' an Earraich a' sgaoileadh gach taobh;
Tha 'n tom-sheangan a' gluasad 's a' chuileag gu meur
A' dawnsadh 'sa ghrian-ghath tha sineadh o'n Ear.

Tha 'm foghnan a' sineadh a shleaghan a mach,
Toirt dùlain do 'n Gheamhradh ris pilleadh gu theach;
Cha 'n ioghnadh leam idir mar chinneas am feur-
Tha grian anns an linne 's aon eile 'san spur.

Tha 'choill a bha lomnochd a' feadail 'sa ghaoith
'Ga còmhdach le duilleach 's blàthaibh gach taobh;
Is taitneach an sealladh bhi 'g amharc a suas,
'Us srannan an t-seillein a' seirm ann am chluais.

'San Atha, na h-eisg tha ri mire gun chlos,
A' sireadh nan cuileag taobh geal bhuinne cas;
Beist donn air sgòrr creige air chrith gu bhi shios.
An doimhneachd an aigein 'thoirt bradain a nios.

Tha gobhar a' faochnadh ri aodann a' chnaip,
A' teagasg d'a minnean an ealain air streap;
Agus uan n' sior mhireag mu'n cuairt air a' phreas,
'S a mhàthair 'ga shireadh mu bhruachaibh an eas.

Air àrd uilinn Chruachain tha gluasad nan eun,
Am fitheach, an croman, 's an iolaire threun;
'S gu 'm chluasaibh tha tighinn àrd langan an fhéidh,
Agus òran na h-ainnir 's i leigeil na spréidh.

Tha 'ghrian nis air luidhe air Earrach an aigh,
'S e le aoidh 'dol a liubhairt an àil suas do 'n Mhàigh;
Chi mi 'n Samhradh a' tighinn air uilinn nan càrn,
'S gair ait anns na gleannaibh 's an coille Mhuc-càrn.

BEAG ACH MOR

Is beag an ni botul de K. D. C. a thaobh meudachd, ach 'nuair a ghabhas tu na bhios ann air son tinneas-stamaig, chi thu cho mor 'sa tha e.

IS E LEIGHSEAS GACH SEORSA DE THINNEASAN-STAMAIG.

Tha daoine mora agus matha <eng>America<gai> 'g a mholadh, oir chuir iad deuchainn air. Na 'm biodh botull dolair de K. D. C. air a dheanamh 'na stuth tana lionadh e càrt: mar sin tha e math agus tha moran ann dheth. Cuir a dh' iarraidh sampuill.

Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air tinneasan cuim.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

Taghail aig Stor
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.,<gai>
agus faic na tha aca do
bhathar de gach seorsa agus
e ri reic gu saor.
Math ar duthcha tha 'nar beachd.

NIALL Mac FHEARGHAIS,
TAILLEAR.
SIDNI - - - C. B

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

[TD 305]

[Vol. 6. No. 39. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE; 25 MART, 1898. No. 39.

BEAGAN EACHDRAIDH.

Bho'n Duine a's Sine tha beo an Ceap Breatunn.

Bho chionn da mhios chur mi feasgar toilichte seachad ann an cuideachd Aonghais Chaimbeill air an Amhuinn Mheadhonaich, ann an Siorrachd Bhictoria. Is e mo bheachd gur e an duine a's sine th' ann an Ceap Breatuinn. Bha e aig an àm a dh' ainmich mi gu slàn fallain ann an buadhan a chuirp agus inntinn. Dh'innseadh e naigheachd cho pongail 'sa dheanadh e 'nuair nach robh e ach leth-cheud bhliadhna dh' aois. Bheir mi dhut pairt dhe 'eachdraidh na bhriathran fhéin. "Gu de an aois tha sibh." "Bha mi ochd bliadhna dh' aois 'nuair a rhaidh mi air bòrd na "Polly" a tighinn do dh' <eng>America<gai>, soitheach cogaidh a chuir sin air tìr anns a' bhliadhna 1803 ann an Eilean St. John's, ris an obrar an diugh Eilean Pronns Iomhair.

Bha sinn, coig ceud pearsa air bòrd 'nuair a sheòl sinn a Port-rìgh. Cha robh am "Polly" gle mhor, 's cha mho na sin a bha an caiptean mor, ach bha an dithis tapaidh. Bha Caiptean Derby misneachail 's na shàr duine'-usal. An ceann choig seachdainean chaidh sinn air tìr am <eng>Belfast<gai>, E. P. I. Cha robh tìgh na duine geal ri fhaotuinn gu ceann a deas an eilein." "Cha'n urrainn nach do dh'fuiling sibh amghar mor?" "B' àmghar a leth, 's cha'n 'eil reusan a bhi dol troimhe oir bhiodh e duilich do dhaoine ann an comhfurtach an la an diugh a thuigsinn agus mor leò a chreidsinn. Rinn na daoine campaichean dhe'n aodach leapaidh. Bhrìst fiabhrus a mach air an t-soitheach agus bhàsaich àireamh de mhnathan is de chloinn an deigh a dhol air tìr." "An do thog sibh àite an sin?" "Cha do thog 'sa chuid ud de'n eilean. Bha m' athair 'na shaor agus thog e bàta a thug theaghlach fhéin agus teaghlaichean eile gu Farrnet, 'san sin thog iad àite. Cheannaich Ruairidh Ruadh Mac Coinnich da mhart agus m'athair aon. Bha e air innse dhuinn mu'n do dh' fhàg sinn thall mu fhuachd is mu shneachd <eng>America<gai> is ciamar a gheibheamaid

fhein 'san crodh troimh 'n gheamhradh; bha e na uallach mor oirnn. Ghabh mo mhàthair an crodh as laimh agus le corran bhuan i na thug na tri troimh 'n gheamhradh. Chaidh mo mhàthair a bhàthadh air baidhe Farrnet; bha i dol thairis ann am bàta leatha fhein le tuba ime gu griasaiche g'a phàigheadh air son obair agus b'e sin an lath ruaigh dhuinne. Bha sin naoi bliadhna anns an Eilean. Thainig sinn anns a' bhàta a thug gu Farrnet sinn a dh' ionnsuidh na h-Aimhne Meadhonaich ann an Ceap Breatunn anns an 1812. Bha mise an nuair sin seachad bliadhna deug. Bha mi fichead bliadhna dh' aois bliadhna blàr Waterloo.

"Cha'n urrainn nach eil deifir mor eadar coltas Cheap Breatunn an diugh sa choltas an la sin." "Tha choltas an diugh follaiseach do gach aon; bheir mi dhut coltas pairt dhe 'nuair a thainig mi so an toiseach. Bha an tuagh gun a h-obair dheanamh, (agus cha robh sinne gle mhaith air a cùl) 's bha an t-àite bho choille gu ruige nan uisgeachan. Bha mu choig taighean am Baddeck, is cha 'n fhiosrach mi gu robh an corr as a sin gu ruige Amhuinn <eng>Inhabitants,<gai> ann an Siorrachd Inbhirnis, aig an àm sin. Cha robh bhar coig teaglaich dheug ann an Siorrachd Bhictoria." "An ann còmhla ribh fein a thainig bhur coimhearsnaich?" "Cha'n ann. Thog mo choimhearsnaich, Cloinn 'Ic Rath, fearainn am <eng>Broad Cove<gai> an Siorrachd Inbhirnis 's chaidh iad a Shidni airson tiodal fhaotainn air anàiteachan, thainig iad troimh 'n Amhuinn Mheadhonaich; chord na h-<eng>intervals<gai> riutha, leig iad seachad <eng>Broad Cove<gai> agus thainig iad dh' ionnsuidh na Aimhne Meadhonaich. Bha na h-<eng>intervals<gai> an uair sin na b'fhearr na tha iad an diugh; tha iad air am milleadh leis an Amhunn." "An robh an t-àite fada gun mhinistear?" "Bha roinn de dh' ùine. A chiad fhear a thainig an rathad, bha e car deighal air Mac-an-Tòisich, ach aig an àm sin bha an t-òl 'na chleachdadh, 's am fear a bhiodh a dhith a dhrama bhiodh e dhith an fhasain. Ach chuala mi gun do rinn an t-òl droch obar air an duine so air a cheann mu dheireadh. Mu'n d'thainig an t-Urramach Mr. Mac Fhearchair g'ar 'n ionnsuidh bha an t-Urramach Mr. Mac Gill-fhinnein á Eilean a Phrionnsa air cuairt a so na mhissonary." "Cha'n urrainn nach robh e duilich gluasad aig an am sin?" "Bha; cha robh rathad no drochaidean ann, bha a chuid bu mho de na bha a dhi oirnn fada bhuaninn agus duilich a thoirt dhachaidh, ach an connaidh; bha sin aig an dorus us an àm tuiteam na craoibh bhiodh ro fhaisg air an tigh. Cha robh an uair sin de dhrochaidean againn ach na craobhean, agus 'n am bitheadh an Amhuinn àrd, bhiodh an t-uisge a' dol tharas orra. Chaidh còignear a bhàthadh le cion 'n an drochaidean. Cha'n fhiach an duigh ach drochaidean iarunn is thig fear an drast 'sa rithist a Tir-mor le <eng>brush<gai> as le <eng>can<gai> gan panteadh. Thug sinn a chuid bu mho dhe ar ceannachd á Sidni 's á Arichat ann am bàtaichean, agus ann an deireadh na bliadhna, 'nuair a bhiodh stoirmeannan àrd ann gu tric le cur sneachda, bha daoine a' fulang moran anaceartais a' tighinn as na h-àiteachan a dh' aimnich mi ann am bàtaichean fosgailte."

"Bu toigh leam beagan tuilleadh fhaighinn mur deighinn fhein. Dhi chuimhnich mi-fhaighneachd c'àite 'n d'rugadh sibh?" Rugadh mi ann an <eng>Applecross<gai> ann Siorrachd Rois anns a bhliadhna 1795. Tha mi dol 'nam cheud sa ceathar. Bha mo sheanair air taobh mo

mhathair á Gearrloch, 's mo Sheanair air taobh mo athar á Earraghael (Bheir mi stòridh dhut air mo sheanair an Gearrloch a dh'fhaodas tu a thoirt uaireigin do MHAC-TALLA an uair a bhitheas beagan agad ri dheanamh). Eadar chloinn oghaichean agus iar-oghaichean tha mi am sheasamh am sheann stoc air ceann ceud de sliochd. Bu mhaith leam fhaighneachd de'n Urramach Calum Caimbeul, a tha gle eolach air an teaglach againn, ma 's aithne dha duine eile tha beo dhe na thainig a nall air a "Pholly." Bha a chunntais a leugh mi ann san MHAC-TALLA mu'n "Pholly" gle bheò dh'am inntinn. Shaoil mi gu'n robh mi a fhaicinn na "Polly" le a gunnachan mora 's le h-armachd. Taghail an uair a thig thu 'n rathaid a rithist; 's toil leam a bhi ag innseadh mu'n tim a bha ann bho shean. Bheir mo bheannachd do'n MHAC-TALLA a tha cur a leithid a dh'urram air a Ghailig as gu bheil i air a leughadh na fallainachd 's gach cearna dhe'n t-saoghal. Saolaidh mi gu bheil eadhon na cnuic 's na glinn tha thall a' deanamh aobhneis gu bheil Gaidheal òg an Ceap Breatunn a deanamh a leithid de chumail suas air cainnt nam bàrd as nan gaisgeach a dh'fhag cliu mar oighreachd agus eachdraidh aig an dùthaich. A Ghaidheil thall 'sa bhos cumaidh suas a Ghailig "Air son na tim a bh'ann bho sheann Agus faodaidh mise le firnn a sheinn am sheann aois:

Le 'cheile ruith sinn feadh nam bruach,
'Us bhuain sinn blàth nan raon,
Air allaban thriall sinn ceum no dhà,
'O àm nan làith 'n a dh' aom.

Le chéil' o mhaduinn mhoich gu oidhch'
'S na h uillt ri plubairt fhaoin,
Sgarradh sinn le tonnan àrd
'O àm nan làith 'n a dh' aom.

Tha an duine còir so lan eachdraidh. Ma theid thu uair sam bith dh' ionnsuidh na h-Aimhne Meadhonaich, theirig g'a choimhead. Bidh e gle thoilichte d'fhaicinn, agus còrdaidh treis dhe sheanachas riut gu math. Tha seann duin' eile an taobh a deas an eilean, ann an siorrachd Richmond, air am bheil mi dol a thaoghal an ùine ghoirid, agus 'nuair a ni mi sin, bheir mi dhuit beagan dhe'n t-seanachas a bhios againn,

Is mi do charaid,
AN CUAIRTEAR.

[TD 306]

[Vol. 6. No. 39. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. XI.

Mu am dìnnearach an la-iar-na-mhaireach chruinnich na h-aoidhean mar

a b' abhaist dhaibh, agus bha Hindbad, am portair 'n am measg. An uair a chuir iad crìoch air an dinnear, thuirt Sindbad riutha, na 'm b'e an toil eisdeachd a thoirt dha, gu'n innseadh e dhaibh a h-uile car mar a dh' eirich dha air an t-siathamh turus a dh' fhalbh e sheoladh.

"A dhaoin' uaisle," ars' esan, "cha 'n 'eil teagamh nach 'eil fadachd oirbh gus an cluinn sibh cia mar a ghabh mi os laimh falbh air an t-siathamh turus a shiubhal an t-saoghail 's a dh' iarraidh tuilleadh fortain, an deigh a h-uile cruadal is uidil is anastachd a dh' fhuiling mi re nan coig tursan a bha mi air falbh roimhe sid. An uair a smaoinicheas mi air tha e 'cur ioghnaidh orm gu'n d' rinn mi 'leithid. Ach biodh sin mar a thogras e, an deigh dhomh a bhith bliadhna aig fois, rinn mi deiseil gu falbh air an t-siathamh turus, a dh' aindeoin na rinn mo chairdean 's mo luchd-daimh de chomhairleachadh orm gu fuireach aig an taigh.

An aite seoladh a Bagh Phersia, is ann a chaidh mi aon uair eile troimh chaochladh de mhor-roinnean Phersia agus nan Innsean, gus an d' rainig mi baile-puirt araidh far an deachaidh mi air bord luinge a bha 'dol air turus fada.

Cha b' e mhain gu'n robh sinn uine fhad' aig muir, ach mar an ceudna gu'n robh sinn cho mi-fhortanach 's gun do chaill an sgiobair a chursa gu buileach. Mu dheireadh fhuair e 'chursa, ach cha robh sin 'na aobhar solais sam bith dhuinn. Ghlac eagal anabarrach sinn an uair a chunnaic sinn an sgiobair a'cur cul ri 'dhleasdanas, agus a teannadh ri gul 's ri caoidh. Thilg e dheth a churrac, agus thoisich e ri spionadh an fhuilt 's na feusaig as fhein, agus ri bualadh a chinn mar gu'm biodh duine a bhiodh as a rian. Dh' fheoraich sinn ciod a b' aobhar do'n obair a bh'aige, agus fhreagair e, "gu'n robh an long anns an aite bu chunnartaiche a bh' anns a' chuan gu leir; gu'n robh sruth laidir 'g a tarruinn gu luath a dh' ionnsuidh a' chladaich; agus gu'm biomaid air ar call ann an ceathramh na h-uarach. Guidhibh ri Dia," ars' esan, "gu'n saor e sibh o'n chunnart so. Cha'n urrainn sinn a dhol as mur gabh esan truas dhinn."

An uair a thuirt e so, dh' ordaich e na siuil atharrachadh; ach bhrìst na scopannan, agus a dh'aindeoin gach oidhirp a thugadh air an long a shabhaladh, thug an sruth i ann an uine ghoirid a dh' ionnsuidh cladach beinne a bha anabarrach ard, cas. Chaidh i 'na connalaich air a' chladach. Ach gu fortanach shabhail sinn uile ar beatha, agus chaidh againn air na bh' air bord de bhiadh agus a' chuid a b' fhearr dhe 'n bhadhar a shabhaladh.

An uair a fhuair sinn am biadh 's am badhar air tìr, thuirt an sgiobair ruinn, "Rinn Dia mar a b' aill leis; tha e cheart cho math dhuinn ar n-uaighean a chladhach, agus beannachd fhagail aig an t-saoghal; tha sinn ann an aite as nach d' fhuair duine riamh roimhe air falbh beo." Chuir na briathran so fo mhor-dhoilghios sinn. Bha sinn uile gu deurach, bronach a' caoidh air son mar a thachair dhuinn, agus dh' fhag sinn beannachd aig a cheile.

Bha 'bheinn air an do bhrìsteadh an long ri cladach eilean a bha

mor, fada. Bha'n cladach uile comhdaichte le fiodh nan long a chaidh a bhristeadh air 's cnamhan nan daoinechaidh a bhathadh. Chuir so uamhas oirnn, agus thuig sinn gu'n do chailleadh moran sluaigh ann. Cha ghabh e innseadh na bha de bhadhar luachmhor agus de shaoibhreas air a' chladach. Bha na nithean so gu leir a' meudachadh ar broin.

Annas gach aite eile tha na h-aimhnichean a' ruith do'n chuan, ach annas an aite so bha amhainn mhor uisge a' ruith a steach do tholl dorcha a bha mor, farsuinn. Rud a tha gle iongantach, is e clachan luachmhor a th' annas a' bheinn so gu leir. Bha fiodh alois a' fas an so mar an ceudna, agus tha e 'cheart cho luachmhor ris an fhiodh a tha 'fas ann an Comaraidh.

Faodaidh mi a radh nach 'eil e comasach do luingeas sam bith faotainn as an aite, aon uair 's gu'n teid iad dluth dha. Ma bhios a' ghaoth thun a' chladaich, bheir an sruth 's a' ghaoth a dh' ionnsuidh beul na h-aimhne iad; agus ged a bhiodh a' ghaoth bhar an fhearainn, tha fasnadh na beinne 'ga cumail uapa agus tha neart an t-sruth 'gan tarraing thun a chladaich, far am bheil iad air am bristeadh mar a bha 'n long air an robh sinne. Agus gu mi-fortanach, cha'n urrainn duine sam bith a' bheinn a dhireadh, no faighinn air falbh as an aite dhoigh sam bith.

Cha robh againn ach fuireach air a' chladach far an robh sinn. Bha sinn mar dhaoine a bhiodh an deigh a dhol as an ciall, agus bha sinn an duil gach latha gu'n tigeadh am bas oirnn. Roinn sinn na bh' againn de bhiadh cho cothromach 'sa b' urrainn duinn, agus cha robh aig gach fear ach a bhith beo air a chuid bidh fhein fhad 's a mhaireadh e dha. Iadsan a thug buil mhath as na bh' aca de bhiadh, is iad a b' fhaide a bha beo.

Iadsan a fhuair bas an toiseach, thiodhlaic an fheadhainn a bha beo iad. Bha mise aig tiodhlaic gach aon dhiubh. Cha ruig e leis foghnadh a chur oirbh ged a bha mise beo an deigh chaich; oir a bharrachd air a bhith 'caomhnadh mo roinn fhein dhe'n bhiadh, bha biadh eile agam dhomh fhein nach do roinn mi air cach idir. Ach an uair a fhuair each uile bas, cha robh agam ach fior bheagan dheth, agus cha robh smaointean sam bith agam gu'm bithinn a' bheag a dh' uine beo. Chladhaich mi uaigh dhomh fhein, agus bha 'run orm mi fhein a shineadh innte an uair a theirgeadh am biadh gu leir dhomh, a chionn nach robh duine ann a thiodhlaic mi. Feumaidh mi aideachadh dhiubh gu'n robh mi aig a' cheart am gle dhiumbach dhomh fhein, a chionn mo bheatha 'chur na leithid de chunnart. Bha aithreachas gu leor orm a chionn falbh o'n taigh idir. A bharrachd air so, bhuail e annas an inntinn agam gu'm bu cho math dhomh crìoch a chur air mo bheatha gun fuireach ris a' bhas a thighinn.

Ach b' i toil Dhe truas a ghabhail dhìom aon uair eile, agus chuir e 'nam inntinn a dhol gu bruaich na h-aimhne a bha 'ruith a steach troimh 'n bheinn. An uair a bha mi nam sheasamh air bruaich na h-aimhne 's mi 'gabhail beachd oirre, thuirt mi rium fhein, gu'm feumadh gu'n robh i 'tighinn an uachdar an aiteiginn an deis dhi dhol troimh n bheinn. Smaoinich mi nach robh dad a b'fhearr dhomh na rath a dheanamh, agus mi fhein a leigeadh le sruth na h-aimhne, agus

gu'n tugadh an sruth mi do dhuthaich air choireiginn, mur a rachadh mo bhathadh. Bha mi coma ged a bhaithteadh mi; oir bha e cho math dhomh a bhith air mo bhathradh ri bas fhaighinn leis an acras. Smaoinich mi 'nam faighinn as an aite mhi-shealbhach anns an robh mi gu'm faoidteadh nach tigeadh am bas orm mar a thainig air mo chompanaich, agus gur docha gu'm faighinn doigh air choireiginn leis an rachadh agam air a dhol ann an cois a' challa 'thainig orm.

Gun dail sam bith thoisich mi ri deanamh rath. Cha robh mi fada 'ga dheanamh, oir bha fiodh gu leor agus taodan faisge air laimh dhomh. Agus an uair a thagh mi na bha freagarrach dhomh, rinn mi rath beag, agus cheangail mi e gu math laidir ri cheile. An uair a chuir mi crioch air, luchdaich mi e leis gach ni bu luachmhoire na cheile a fhuair mi air a' chladach. Agus b' fhuasda dhomh sin a dheanamh, oir bha 'm pailteas de sheudan luachmhor de gach seorsa ann am braighe a' chladaich. An uair a cheangail mi gu teann, cruaidh gach ni a bha mi 'toirt leam air an rath, chaidh mi air bord air, agus bha da ramh bheag agam a rinn mi gun fhios nach biodh feum agam orra. An uair a dh' fhalbh mi o thir, chuir mi mi-fhein air curam Dhe.

Cha bu luaithe a chaidh mi steach do'n toll a bh' anns a' bheinn na chaill mi, gu buileach sealladh an t-solus. Bha'n sruth 'g am thoirt leis, ach cha robh fhios agam c' aite. Bha mi air an rath laithean araidh, agus mi ann an tiugh dhorchadas. Bha 'n toll cho cumhang an aiteachan 's nach mor nach do bhristeadh mo cheann. Ach thug so orm an aire mhath a thoirt dhomh fhein 'na dheigh sin. Fad na h-uine cha d' ith mi ach na bha 'gam chumail beo air eiginn. Ach a dh' aindeoin cho math 's a bha mi 'caomhnadh a' bhidh, theirig e dhomh mu dheireadh. 'Na dheigh sin thuit mi 'nam chadal. Cha'n urrainn domh a radh ciod an uine a bha mi 'nam chadal; ach an uair a dhuisc mi, ghabh mi ioghnadh an uair a chunnaic mi gu'n robh mi ann am meadhain duthachadh a bha anabarrach farsuinn, far an robh an rath air a cheangal ri tir. Agus

[TD 307]

[Vol. 6. No. 39. p. 3]

bha aireamh mhor de dhaoine dubha timchioll orm.

Dh' eirich mi 'nam sheasamh cho luath 's a chunnaic mi iad, agus chuir mi failte orra. Labhair iad rium, ach cha do thuig mi ciod a bha iad ag radh. Bha mi cho fior aoibhneach 's nach robh fhios agam co dhiubh bha mi 'nam chadal no 'nam dhusgadh. Ach an uair a thuig mi nach robh mi 'nam chadal, labhair mi na facail a leanas ann an canain Arabia; "Gairm air an Uile-chumhachdach, agus cuidichidh e thu; cha ruig thu leas iomacheist a bhith ort mu thimchioll ni sam bith eile; duin do shuilean, agus am feadh 's a tha thu 'na d' chadal, caochlaidh Dia do mi-fhortan gu fortan."

Thuig fear dhe na daoine dubha na briathran a labhair mi, agus thainig e dluth dhomh agus thuirt e, "A bhrathair, na cuireadh e

ioghnadh ort sinne fhaicinn. Buinidh sinn do'n duthaich so. Tha sinn air tighinn a dh' uisgeachadh ar cuid fearainn le uisge na h-aimhne so a tha 'tighinn am mach as a' bheinn. Chunnaic sinn rud a' fleodradh air an uisge, agus cho luath 's a b' urrainn duinn thainig sinn a dh' fhaicinn ciod a bh' ann. Agus an uair a chunnaic sinn gur e rath a bh' ann, shnamh fear dhinn far an robh e, agus thug sinn gu tir e, agus cheangail sinn e gus an duisgeadh tu. Innis dhuinn d' eachdraidh; oir feumaidh gu'm bheil i anabarrach iongantach. Co as a thainig tu, agus cia mar a bha de mhisnich agad falbh air an amhainn?"

Thuirt mi riutha gu'n innsinn dhaibh mo naigheachd nan tugadh iad an toiseach dhomh biadh a dh' ithinn. Thug iad dhomh caochladh sheorsachan bidh, agus an uair a ghabh mi na thainig rium dheth, dh'innis mi dhaibh a h-uile car mar a dh' eirich dhomh, agus dh' eisd iad rium le mor fhaire 's le mor ioghnadh.

An uair a chuir mi crìoch air na bh'agam ri innseadh dhaibh, thuirt am fear a bha 'g eadar-theangachadh eadrainn rium nach cual' iad eachdraidh riamh cho iongantach ris na dh' innis mi dhaibh, agus gu 'm feumainn falbh comhladh riutha agus m' eachdraidh innseadh do'n rìgh mi fhein, o nach b' urrainn duine sam bith eile a h-innseadh ceart. Thuirt mi riutha, gu'n robh mi deas gu ni sam bith a dh' iarradh iad orm a dheanamh.

Gun dail sam bith fhuaradh each, agus an uair a chaidh mi air a mhuin, choisich cuid dhiubh romham gus an rathad a shealltainn dhomh, agus lean cach sinn 's iad a' toirt leotha na rath agus nan nithean luachmhor a thug mi leam o chladach na beinne.

Choisich sinn mar so air ar n-aghart gus an d' rainig sinn ceanna-bhaile na rioghachd. Thugadh an lathair an rìgh mi. Chaidh mi dluth do 'n rìgh-chathair, agus thug mi umhlachd is urram do 'n rìgh mar bu ghnath leam a thabhairt do rìghrean nan Innsean; sin ri radh, leig mi mi-fhein 'nam shineadh aig a chasan, agus phog mi an t-urlar. Labhair e rium gu ciuin, caoimhneil, agus dh' fhaighneachd e dhìom c' ainm a bh' orm, agus fhreagair mi, gur e, "**Sindbad** an Seoladair," a theirteadh rium gu cumanta, do bhrìgh gu'n robh mi 'dol air tursan-cuain gu math tric. Thuirt mi ris mar an ceudna, gur ann do ghnath-mhuinntir **Bhagdad** a bha mi. Dh'fheoraich e dhìom cia mar a thainig mi do'n rioghachd aige, agus co 'n t-aite mu dheireadh as an dh'fhalbh mi.

(Ri leantuinn.)

Comhradh nan Gaidheal.

COMHRADH EADAR TEARLACH OG AS AN EILEAN SGIATHANACH, CALUM MAC FHIONNLÀIDH A MHUILE, AGUS DUGHALL MAC GRIOGAIR A PEAIRT.

(Air a leantuinn.)

TEARLACH.—Mata a chàirdean cha'n 'eil mi ann an sunnd mhaith

<eng>“yarn”<gai> mar their sibh a shnìomh dhuibh, no sgeul innse, ach bho'n is i a làmh a bheir a gheibh, 's bho'n rinn sibhse ar cuid, feumaidh mise feuchainn ri facal no dha air Tearlach na fhear-fuadain: cha b' ann, fhearaibh, ann am bata mar bha sibhse ach air dorlach mhaidean ceangailte ri cheile, <eng>“raft,”<gai> mar their iad ris 's a Bheurla, agus a mach air a chuan mhor, am fìor aibheis agus lear, 's cha b'e Loch Fìne no Loch Tagha.—Tha deich bliadhna 'us corr uaithe a nis, ach cha dhichuimhnich mi 'm feasd e—'Se chuir cho liath so mi. Mar tha fhios agaibh le chéile bha mi ri seoladh thairis ann an soithichean no 'n luingeas mhoir o chionn mhoran bhliadhnaichean a nis mar shaor, a cheaird a dh' ionnsaich mi an Grianaig, agus deireadh bliadhna araid bha sin dh' fhàg sinn—'se sin sheòl an long 's an robh mi aig an am—Grianaig airson aite ris an abrar na Barbadoes—cha d' rainig sinn fhathast e. Bha sinn a mach aireamh mhaith 'lathaichean, 'nuair aig bial na h-oidhche—agus is grad a thig an oidhche sìos ann an cuid a chearnaibh—

CALUM.—Direach coltach ri ar foghar fhein mu'm bheil an radh is maith is aithne dhuibh se sin “Mar clach a ruith ri glean is e sin feasgar fann fogharaidh.”

T.—Gle cheart a Chalum, ach is fhad' o'n a chuala mi e, agus ged is luath an clach is luaithe na sin an oidhche a' tighinn mar tha mi 'g radh agus aig an am bha gne shoills' a' dol nuair chualas an sgial eagallach sin “Teine.” Chlisg am fear bu dana na'r measg agus cha 'n fhaod mi gun aideachadh gun d' thug mo chridhe leum asam air doigh nach d' fhairich mi riamh roimhe—gu fortanach cha robh luchd turuis leinn aig an am, ach bha sinn sgioba de cheathar 'ar fhichead, eadar bheag 'us mhor, sean 'us og. Shaothraich sinn gu dian cruaidh air son an teine chur as no mhùchadh air a chor a 's lugha, ach cha deach againn air gu ro mhaith, agus air do 'n sgiobair fhaicinn nach robh feum dhuinn a bhi stri ni 's fhaide, thug e 'n t-ordugh seachad biadh us uisge 'chuir anns na bàtaichean 'us an cuir am mach ri a cliathaich. Nis bha aon ni uamhasach anns an long air nach robh fios aig neach sam blth ach agam fhein agus triuir, agus b' e sin gu 'n robh teann air ceud baraille 'dh fhùdar air bord, agus cho luath 's a chunnaic ar Sgiobair gun robh an teine a' faotainn buaidh oirnn agus, 'na bheachdsan, a gabhail dìreach sìos an rathad a bha 'm fudar, thug e 'n ath òrdugh seachad sinn a chuir car oirnn; chunnaic mi gun robh e fhein agus na fir eile bha eolach air mar bha cùisean a seasamh, ag oibreachadh gu cruaidh sgiobalta, agus an gruaidhean air dreach no dath a bhàis. Cha 'n eil fhios agam nach robh mi fhein air an aon seol, ach coma co-dhiùbh, dìreach mar bha sinn an ti bhi deiseil, chunnacas 'us chualas buird na luinge a' fosgladh, 's a sracadaich o cheile le dearrsadh 'us tailmich uamhasach. Cha 'n eil cuimhn' agam air dad tuille gus an d' thainig mi h-ugam feir air uachdar an t-sàile 'measg sparran 'us gach treallaibh a bhuinneadh do 'n “Almora” bhochd, a bha nis air a dhol fodha gu grund a chuain. Mar thubhairt mi, is ann bial an anmoich a thachair so, agus cha robh ach beagan thar leth uair ri dhol gus am biodh e dorcha—cho dorcha co dhiubh 's a bhiodh e aig an am sin 's an àite sin 's an robh sinn, agus 'nuair a rinn mi mach nach robh mi—le cuideachadh an Fhreasdail—air mo chiùrradh, rinn mi greim air sgonn maide bha air flod fo m' achlais 'us sheall mi mu 'n cuairt orm; chunnaic mi corr

cheann an so 's an sud ag eiridh agus, air lunn faisg orm, an sgiobair e fhein. "O Thearlaich! an tu th' agam ars' esan, 'bheil thu a faicinn dad de chàch?" Thubhairt mi gu 'n robh seachd no ochd faisg oirnn, ach gu'n robh eagal orm nach d' eirich ach sin an uachdar, "Eigh riu sin," ars' esan, "iad a dheanamh oidhirp air tighinn an so, tha mise, tha eagal orm air mo dhroch leòn, agus cha 'n urrainn mi dad de spàirnn a dheanamh." An ceann beagan uine an deigh dhomh bhi glaothaich àird mo chlaiginn, bha sinn ann, timchioll air an sgiobair, aon deichnear a mhàin as an sgioba de cheathar 'ar fhichead a bha beò slàn beagan mhionaidean roimh' sin, agus nam measg, gu h-iongantach bha h-uile fear dhe 'n fheadhainn sin d' am b' aithne gu'n rebh am fudar air bòrd, agus, rud a bha gle bhrònach ri fhaicinn, giullan beag a mhuinntir Leodhais mu thri bliadhna deug a dh' aois, 's a cheann a sileadh fola tre sgaile a fhuair e leis an spreighaadh-am maol-ciaran bochd! 'Nuair bha sinn cinnteach nach bu mhaireann ach na bha cruinn dhinn, thubhairt an Sgiobair-'s e labhairt gu fann airtneulach—"Illean, tha agam ri maitheanas iarraidh oirbh ma 's toir sinn oidhirp air sinn fhein a shaoradh ma ghabhas sin a dheanamh, oir is ann gun fhios d' an chuid mhor agaibh a chaidh am fùdar milteach sin a chur an so sinn air bòrd idir, ach 's e mi dh' fhaotainn suim mhor airgid gu sin a dheanamh a mheall mi, agus tha mi nis gun sgillinn ruadh a bhuineas

(Air a leantuinn air taobh 310.)

[TD 308]

[Vol. 6. No. 39. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 25 MART, 1898.

Litir a Ontario.

FHIR DEASACHAIDH;—Tha mi cinnteach gu 'm bheil an t-àm agam sgrìobhadh a ris air son 's gu faigh e àite 'sa MHAC-TALLA mu'n deid am mìos so seachad, oir 's math leam sgrìobhadh uair 'sa mhios ma's urrainn domh idir.

Tha na làithean a nis air fàs fada agus na h-oidhcheannan air a dhol an giorrad. Tha side bhriagha againn an so o'n a thainig am Màrt a stigh. Tha cuid de na tuathanaich a teannadh ri treobhadh, ach 's gann gu bheil e freagarrach air son na h-obrach sin fhathast, oir tha an grùnnd gu math bog. Thòisich a chuid a's motha air an t-siùcar o cheann beagan làithean, agus tha an <eng>"sap"<gai> a ruith gu maith.

Chaidh latha mor seachad—Taghadh Luchd-Pàrlamaid. Tha 'nise naimhdean sàmhach taobh ri taobh ri taobh, is luchd na còmhstri réidh. Cha chluinnear a nis a bhi cònnasachadh no bhi cur gheall co 'pharty a bhuinigeadh. Tha Micheil, ard-aingeal nan <eng>Conservatives<gai> 'sa bhaile so, a nis a toirt an aire air a ghnothach fhein, a bualadh an iarruinn am feadh 'sa tha e teith. Tha Dùghall, a th'air a dhath dà uair ann an guirmean nan <eng>Liberals,<gai> a nise 'na shuidhe gu socair ag obair aig furam na griasachd a' deanamh bhrògan matha dìonach air son an earraich. Agus a mhuintir a bh' air taobh nam <eng>Patrons,<gai> tha iad a nis a' cagnadh am miar; oir cha d' fhuair iad ach àireamh gle bheag de bhòtaichean 'san taghadh, agus cha mhor a nis nach faodar a ràdh gu'n d' fhalbh an cuimhne; cha 'n aithnichear iad 's cha 'n aithne dhoibh, oir cha do phill ach aon fhear bochd air son an sgéula innseadh. Bhuannaich na <eng>Conservatives<gai> anns na trì roinnean de Shiorrachd <eng>Grey,<gai> ach 's math nach caillear na theid an cunnart; tha 'n làmh an uachdar aig na <eng>Liberals<gai> fhathast.

Tha moran de dhaoine òga a falbh as an àite so air an earrach so a shireadh am fortain ann an dùthchannan fad as—cuid a dol do <eng>Alaska<gai> 's do'n Chlondaic, agus cuid do Mhontana 's do'n Iar-Thuath. Tha sinn an dòchas gu 'n soirbhich leo gu maith, agus gu 'm pill iad dhachaidh làn saibhreas a dh' ionnsuidh an càirdean an ùine gun bhi fada.

Tha prìsean a nise gu math àrd air gach ni; tha crodh bainne a reic aig rupaichean fo \$30 gu \$45, agus gach ni eile da reir sin.

Thainig luchd Eaglais na Cléire gu còrdadh mu dheireadh, agus thug iad gairm do'n Urr. Iain A. Mathanach á Cléir Orangeville. Tha e ri bhi air a shuidheachadh air an la mu dheireadh dhe 'n mhios so.

Tha moran gu tinne 'san àit' so. 'Se sin a's maith leis na lighichean; oir mar biodh duine idir tinn bhàsaicheadh iad fein le cion analach, no cion bidh a b' àil leam a ràdh. Tha dithis lighichean againn 'sa bhaile bheag so, agus tha iad a faotainn gu leòr ri dheanamh a réir coslais.

Tha mi 'smaoineachadh gu 'm bheil an t-àm agam sgur. Cha'n eil e

maith a bhi feuchainn nàdur foighidneach; feumaidh gu 'm bheil nàdur maith aig na clo-bhualadairean, oir 's iomadh ni cearbach a dh' fheumas iad cur suas leis, agus gu sònruichte an clo-bhualadair Gàilig. 'S iomadh litir air a droch chur an òrdugh a dh'fheumas e a chur ceart; oir cha'n eil sinne a bhios a sgrìobhadh ach gu maith leibideach ann a bhi 'cur an òrdugh Gàilig. Tha moran do Ghaidheil fhoghlumte againn 'san dùthaich; ach cha chuir iad de dhragh orra fhéin na chuireas beagan sgrìobagan a dh' ionnsuidh an aon phaipeir Gàilig a tha 'san dùthaich gu léir. Chi mi gu bheil Niall Camaran á Bunnessan a' faotainn MHIC-TALLA. Cha'n e Bunnessan thall am Muile 'th'ann, ach ged nach e, tha gu leòr ce Ghàidheil timchioll an àite sin; agus faodaidh e bhith gu'n cuir Niall còir dàsgadh am measg nan cnàmhan tiorma, agus gu 'n toir e moran dhiubh gu bhi cur an ainmean 's an dolair gu MAC-TALLA, agus gu dearbh 's iomradhàite anns an cuir iad dolair nach bi cho math.

Slàn leat an dràsda. Cluinnidh tu bhuam air an ath mhios m'a bhios mi gu maith.

Is mi do charaid,
IAIN MACGILLEASBUIG
<eng>Priceville,<gai> Màrt 15, 1898.

Tha trì nithean no dhuilich ann, sgeul rùin a ghleidheadh, càineadh no lochd a dhi-chuimhneachadh, agus feum math a dheanadh a dh' ùine a bhitheas aig neach dha féin.

Air do "Phlato" cluinntinn gu 'n robh naimhdean aige labhair gu h-olc mu dhéibhinn fhreagair e. "Bithidh mo chaithe-beatha air dhòigh 's nach creid neach 's am bith iad.

Seachain an t-sùil a dh' aithnicheas an t-olc gu luath, agus a tha mall a dh' fhaicinn a' mhaith.

Cha'n 'eil e ceart gu'n ditheadh sinn neach 's am bith nach 'eil 's an làthair gu dhion féin.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhìrionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr taillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 309]

[Vol. 6. No. 39. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha teine ann an Chicago a sheachdain gus a' bhòn-de, leis 'n da
leisgeadh coig duine deug gu bàs.

Bha da cheud 's coig deug air fhichead <eng>"bill"<gai> air a thoirt
fa chomhair pàrlamaid Nobha Scotia air an earrach so, agus thainig
da cheud 'sa coig dhiubh sin gu bhi 'nan lagh. Co theireadh nach eil
dad aig luchd-pàrlamaid Nobha Scotia ri dheanamh.

Gheibhear sanas bho <eng>F. Falconer & Son,<gai> ann an àit' eile.
Bha iad an uiridh nan luchd-gnothuich aig a chuideachd a tha iad ag
ainmeachadh, anns an t-siorrachd so a mhàin, ach am bliadhna tha 'n
t-eilean gu h-iomlan air a thoirt dhaibh. Tha sin ag innse gu 'n d'
rinn iad deagh ghnòthuch air a bhliadhna s'a chaidh.

Tha iad ag radh gu bheil roinn mhor de bhuinn de dh' rirgread meallta a' dol mu 'n cuairt air feadh na dùthcha aig an àm so. Tha buinn mheallta leth-dolair de chuinneadh Newfoundland air tigh'nn air lom o chionn ghoirid. 'S còir do dhaoine a bhi gle fhaiceallach mu 'n airgead a dh' fhaodas iad a bhi laimhseachadh.

Tha gille beag air a Bheinn Ghuirm, am Pictou, ann an coithional an Urr. D. Mac Eanruig, agus ghabh e, o chionn ghoirid, a h-uile ceist a th' ann an Leabhar Aithghearr nan Ceist, gun a dhol am mearachd ann an aon fhacal. Cha 'n eil e ach coig bliadhna dh' aois, agus cha robh e latha riamh 'sa sgoil. 'Se Uilleam Ros is ainm dha.

Ann an stàit Maine, far am bheileas a deanamh moran obrach anns a' choille na h-uile goamhradh, b' àbhaist dhaibh bliadhnaichean roimhe a bhi gann gu leòr de shneachda. Ach air a gheamhradh so tha uiread ann dheth, 's nach teid aca air obrachadh ach gann idir. Tha e eadar seachd us da through dheug a dhoimhnead air a chòmhnard.

Tha e air fhàgail air nighinn oig an <eng>Glace Bay<gai> gu 'n do chuir i coig sentichean fichead gu cuideigin ann a' Halifacs air son e dh' innse dhi ciamar a gheibheadh i a lamhan a ghealachadh, agus gu'm b'e 'm chomhairle thugadh oirre i 'gam bogadh gu math tric ann an uisge nan soithichean. Cha chuala sinn ciamar a chòrd a chomhairle rithe, ach tha e air innse gu'n do chòrd i gu h-anabarrach ri 'màthair.

Fhuair eadh fios ann an Ottawa o chionn ghoirid o sgioba dhaoine a dh' fhag am baile sin o chionn thri miosan gus a dhol do 'n Chlondaic. 'Se rathad Edmonton 's an Iar-Thuath a ghabh iad. Bha iad aig an àm a sgrìobh iad ceithir cheud mìle á Edmonton. Bhu an rathad uamhasach doirbh; thug iad ceithir latha air ceithir mìle deug a dheanamh. Anns an astar sin chaidh iad seachad air deich air fhichead each marbh, agus chaill iad aon air fhichead de na h-eich aca fhéin. Thug iad ceud 's da fhichead us da each leotha, ach 'nuair a sgrìobh iad, cha robh beò dhiubh ach a ceud. Chuir am fuachd 's na droch ròidean as do chàch.

Tha ar caraaid Alasdair Caimbeul, á Srath-Lathuirn, ann a bhi cur ugainn pàigheadh a phaipeir, a' deanamh moladh mor air bàrdachd Neill Mhic Leòid, agus a' feòrach am mac e do Dhomhnull Mac Leòid, "Dhomhnull nan Oran," a bha gle ainmeil araon an Alba 's anns an dùthaich so o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean air ais. Faodaidh sinn innse do ar caraaid gu'r h-e mac do 'Dhomhnull nan Oran" A th' ann an Niall, agus a reir coltais, gu 'n d' thainig spiorad bàrdail 'athar air ann an tomhas dùbailte. Tha sinn an dòchas gu 'm bi saoghal fada air a bhuileachadh air, agus gu'm faighear iomadh òran agus duanag bhinn eile bhuaithe mu'n triall a "chadal gu bràth an talla nam bàrd nac beò."

Tha tuathanaich an ceann a deas Mhanitoba ag obair air a churachd. Tha an t-side anabarrach briagha. Ann an àiteachan de 'n dùthaich cha do shil ach gle bheagan sneachda fad a' gheamhraidh.

Ann an te de na Stàitean a deas, an oidhche roimhe, chaidh sgioba de

dhaoine geala gu tigh duine dhuibh a bha air ùr-phòsadh ri boirionnach geal, agus mharbh siad iad le chéile. Cha robh iad air son iad a bhi pòsda idir, a chionn nach robh iad dhe 'n aon dath.

Chaidh àireamh mhor fhiadh a mharbhadh gu mi-laghail ann an Cuibeic air a gheamhradh 's air an earrach so. Bha an sneachda cho domhain 's gu robh e gle shoirbh tigh'nn suas ris na beothaichean, agus rinneadh sgrios mor orra. Tha luchd-ceartais a' feuchainn ri greim a dheanamh orra-san a tha ciontach.

Tha 'n t-side beagan na 's fhuaire air an t-seachdain so na bha i, ach cha 'n eil reusan aig daoine bhi gearain idir. Cluinnear cuid ag radh gu bheil am Màrt gu bhi doirbh 'gar fàgail o'n bha e cho sèimh a tighinn. Cha chuireadh e ioghnadh sam bith oirnn ged a bhiodh sin ceart, no ged a bhiodh stoirmeannan sneachda againn fhathast.

Tha Newfoundland an deigh atharrachadh a dheanamh air cisean na cusbuinn. Tha cisean air nithean air am bheil an sluagh gu h-iomlan a cur feum air an isleachadh. Tha còrn ri leigeadh do'n dùthaich gun cis a phàigheadh idir. Tha 20c am barailte air min bhuidhe, 10c am buiseal air buntàta, agus 50c am barailte air ùbhlan. Tha na cisean air an àrdachadh gu math air uisge-beatha, ruma agus tombaca. Tha na cisean air ti, siùcar, agus nithean eile air an isleachadh.

Tha tuiltean an deigh cron mor a dheanamh ann an Ontario 's an Cuibeic o'n thoisich an sneachd' air aiteamh. Dh' at na h-aimhnichean gu mor, agus rinneadh call nach bu bheag ann an Ottawa, am Paris, 's an Lunnainn. Bha 'n amhuinn St. Lawrence ag at cho mor toiseach na seachdain se 's gu robh eagal air muinntir Mhontreal gu robh tuil mhor gu bhi aca. Tha sneachda cho trom aca 's na roinnean ud 's gu bheil e gle chunnartach gu 'm bi tuiltean cronail ann mu'n teirig an t-earrach.

Mu 'n àm so dhe 'n bhliadhna, 'nuair nach eil an t-airgead gle shiùbhlach, bithear a deanamh dearmad mor air na paipearan-naigheachd. Tha sinn an dòchas nach bi aig a MHAC-TALLA ri gearain sam bith a dheanamh anns an dòigh sin air an earrach so, ach gu 'n dean iadsan aig am bheil dad ri phàigheadh dha an dleasan sin gu 'n ghuth a thoirt air gainnead an airgeid. Tha MAC-TALLA taingeil airgead fhaotainn aig àm sam bith, ach bidh e gu sònruichte nan comainsan a chuireas am pàigheadh uige 'nuair a bhios an t-airgead gann.

Iadsan a Phaigh.

Alasdair Caimbeul, Strath-Lathuirn.
Mor A. Nic Gilleain, Taobh Sear Loch Ainslie.
Bean Ailein Mhathanaich, Sidni.
Somhairle Mac Neacail, an Amhninn Mheadhonach
Lachuinn Mac Guaire, an Amhuinn Mheadhonach
Alasdair Mac Rath, an Amhuinn Mheadhonach
25c
Iain Mac Iomhair, <eng>Baddeck Bay.<gai>

Iain Mac Coinnich, (Eildear), Nyanza.

\$2.00

Iain M. Domhnullach, <eng>Stellarton, N. S.<gai>

Iain I. Mac-a-Phi, <eng>Little Sands,<gai> E. P. I.

Calum Caimbeul, <eng>Kinross,<gai> E. P. I.

Calum Mac Leòid, <eng>Springhill, Que.<gai>

\$3.00

Anna P. Nic Laomuinn, <eng>Tiverton, Ont.<gai>

A. I. Mac Leoid, <eng>Leeburn, Ont.<gai>

Aonghas Mac Leoid, (Eildear), <eng>Hilton, Man.<gai>

A Mac Neill, Oir, Dakota, Tuath, \$3.15.

Dotair A. D. <eng>Sinclair, Boston, Mass.<gai>

Anna Nic Neill, <eng>Castlebay,<gai> Barraidh.

Gabh Deagh Chomhairle

agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho

<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleir gle
thoileach a shealltuinn.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaig air laimh. Ma tha thu air son
Deise no part de dheise fhaotainn, taghail aig

Niall Mac Fhearghais,

an Taillear,

agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h Aodaichean a th' aige
math 's bidh, iad an an deanamh a cheart cho math.

Cordaidh 'Obair Riut.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.

Sinclair .35
Orain Iain Luim .35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa
1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai>
.35

Cuirear aon sam bith de na abhraichean so leis a phosta air son a phris ainmichte.

Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
"Sydney, C. B.<gai>

[TD 310]

[Vol. 6. No. 39. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 307.)

domh ris an t-saoghal, am bàs a' geur amharc orm, oir chaidh mo leòn gu h-òlc, agus na bhuineas do-on!" Chrom e a cheann an so agus cha d' thubhairt guth no facal fad mionaid no dha, ach an sin thog e a cheann 's lean e air bruidhinn ag radh "b'e toil an Tighearna, leamsa na mheadhoin, ar cuir an so, ach stiuraidh 'us gleidhidh e sinn an so a reir a dheadh thoil fein, air an aobhar sin na tugamaid thairis agus na bitheamaid eu-dochasach, tha mi faicinn gum bheil moran stuth timchioll oirnn as am faodar ramhach a dheanamh fo sheòladh an t-saoir"—b'e sin mise—"agus 'nuair a thig mi beagan h-ugam fein, bheir mi laimh air a ghnòthuch còmhla' ribh ma's urrainn mi idir. Eisdibh ri mo chompanaich Mhr Gow an dràs d agus bithibh dichìollach, agus gu 'm beannaicheadh Dia 'ur n-oidhirpean." Cha robh duine dhinn, ged is ainmic a gheibhear e 'measg mharaichean tha mi duilich a channtuinn, no eadhon am brogach beag fhein do nach b' aithne snàmh agus an deigh iarraidh air Domhnull beag, 'se sin an gille, greim a chumail air an t-slait taobh ris an sgiobair, thoisich sinn uile, ach an dithis sin, ris na bùird 's gach ni bha ri fhaotainn a thoirt cruinn agus gu sgeul goirid a dheanamh dheth, rinn sinn ramhach a bha mu fhichead troidh air fad agus mu 'n aon leud, ceangailte cho teann 's a rachadh againn air a dheanamh leis an acfhuin a fhuair an crochadh ris na sparran. Chuireadh an sgiobair truagh agus Dòmhnall beag air bòrd taobh ri da chiste fhuair sinn air flod, agus am beagan biadh 'us deoch a fhuair sinn, 's faodaidh mi a ràdh nach robh sin ach gle ghann gu dearbh, mu leth bharrailte de bhreacagan-cruithneachd agus buideal beag de dh' uisge. B'e a chiad ghnòthuch a ghabh sinn os laimh a dheanamh an deigh an ramhach a chur ri cheile, sealltuinn ri ar sgiobair oir ged chaidh an "Almora" gu grunn d a chuain sheall sinn air mar ar sgiobair fhathasd, agus ri Dòmhnall beag; bha gach fear eile againn slàn agus chunnacas gu 'n robh da ghairdean an sgiobair briste os cionn an uilinn, gearradh uamhasach srachte air cul a chinn agus a dhà no trì dhe aisnean briste. Fhuair sinn na gairdeanan a thàthadh ri cheile

cuimeasach maith na 'r beachd ne, agus chuir sinn air doigh gu meadhonach maith an gearradh bha na cheann, le neapaicin agus beagan geire fhuair sinn am measg an stuth a chruinnicheadh leinn, ach bha na h-aisnean briste 'ga phianadh gu h-olc, agus bu ghann a thairneadh e 'anail.

Chuir sinn Dòmhnall beag air doigh cuideachd, cha robh an gearradh cinn aigesan ro dhona, agus an sin thòisich sinn ri sinn fhein a roinn ann an da "fhaire," a h-aon fo riaghladh a "mhate" Mac-a-Ghobha, agus am fear eile fodhamsa; air sin 'bhi deanta, chaidh a réiteach na 'r measg gu'n gabhadh am "faire" agams' os laimh a bhi na dhùisg an toiseach gu bhi sealltuinn a mach, oir cha robh an còrr againn ri dheanamh, bho'n a bha sinn gun ràimh no seòl a bheireadh astar as an ràmhach, agus a thuilleadh air sin cha bha robh sinn buileach cinnteach aig an àm c'àite 'n robh sinn no co an tir a b' fhaisge oirnn, agus sin gu ceithir uairean 's a mhaduinn a reir an uaireadair aig Mac-a-Ghobha, nach do stad idir a dh' aindeoin a bhogadh a fhuair e; a chodail chaidh càch mar b' fhearr a b' urrainn daibh, agus cha b' fhada gus an robh a h-uile duine ac' aon an suain. 'Nis, ged bha mi moran lathaichean doruinneach 'us oidhcheannan dorcha air na sparran ud, cha chreid mi gu'n d' fhairich mi cho aonaranach truagh 's a bha sinn 's an gàbhadh uamhasach troimh 'n deachaidh sinn gu gàbhadh a bha ach gann cho mor, uair sam bith an deigh sin cho fìor gheur ris a cheud oidhche sin, gu h-àraid a cheud uair no dhà, oir bha sàmhachas 'us ciùine air aghaidh na doimhne agus, mar is maith a chreideas sibh, is beag sunnd bruidhinn a bh' air fear seach fear dhinn; cha chluinnteach trom analaich na fir a bha 'nan cadal, dìosgail nan sparran, agus ospagan mùchta bho 'n sgiobair bhochd a bha fàs ni 's laige 's ni 's laige. Mhair so mar so fad uair 'us còrr 'nuair chuala mi guth fann o'n sgiobair ag ràdh anns a Chainnt-cha chreid mi fearaibh ged tha, gun d' innis mi dhuibh gu'm b'e smior a Ghàidheil a bh' ann, a mhuinntir Mhuile, do dhùthaichs' a Chalum, agus gu firinneach b'e fhein am fìor Ghaidheal agus an Dòmhnallach urramach, uasal.

C.—Domhnallach, o Mhuile, cha'n eil iad pailt de 'n chinneadh sin 's an eilean ud, a ghràidh! ged gheibhear Domhnallach cha mhor an àite sam bith dhe'n t-saoghal—gun tighinn air na Caimbeulaich—ach mur eil mi cur bacadh ort, agus ma dh' fhaodas mi fhoighneachd, 'de an t-àit am Muile d' am buineadh e?

T.—Càrsaig, a Chalum, Càrsaig, agus cha chreid mi nach robh e na dhuine measaal thar chàich an sin, bho rud no dha a leig e tuiteam uaithe is sinn ri seanachas, mar bu tric a bhitheamaid, mu'n Ghàidhealtachd.

C.—Càrsaig! an d' thubhairt thu rium e? 'Se mac Cholla chiar a bh' ann gun teagamh sam bith; bha esan na sheòladair, 's chailleadh e dìreach mu am na sgeòil agad; dh' fhàg e céile eireachdail 'us dithis phàistean laghach luireach, gille agus nighean.

T.—O nach tric a chuala mi e 'bruidhinn orra uile, agus nach mi chual' e ga 'n caoidh gu goirt ma 's d' fhàg e an saoghal, mar tha mi nis a dol a dh' innse dhuibh.

Mata, mar thubhairt mi, chuala mi an guth funn aige ag ràdh “A Thearlaich teann a nall ni 's faisg orm, tha mi mothuchainn a bhàis a tighinn, agus bu mhaith leam mo bheannachd a ghabhail leat. Is beag a shaoil mi gu'n robh agam ris an t-saoghal fhàgail cho luath, ach is e toil an Tighearn' e, agus tha mi 'cuir mo làn eerbs' as agus ann an dòchas gu'n robh 's gu'm bheil mi air mo stiùradh leis; ach O, mo bhean bhoichd 's mo phàistean gaolach, tha mi ga 'm faicinn saoleam mar tha mi na m' shinaadh an so, fair dhomh do làmh a Thearlaich, ars' esan, 'se sochair mhor agus faochadh do m' chridhe anns a chruaidh chàs 's am bheil mi, Gàidheal a bhi làmh rium, agus tha mi nis a' guidhe ort, ma theid do chaomhnadh, thu ruigheachd an taigh agam cho luath 's theid agad air sin a dheanamh, gheibh thu an stiùradh anns na litrichean tha 'nam phòcaid, so dhuit iad-0! cha'n uraainn mi an toirt dhuit-thoir fhein leat iad agus gabh fìor chùram dhiubh gus am faigh thu cothrom an toirt thairis do mo bhean ghràdhach, agus abair rithe-0, ciod nach abair thu-ach abair so co dhiu, gur ann orra fein agus air na pàisdean a bha na smuaintean mu dheireadh agam, agus gu 'n deònaicheadh ar Cruithfhear gu 'n coinnich sinn uile far nach bi dealachadh no bròn ann ni 's mò.”

Cha d' thubhairt e tuille, cha robh an comas aige, ach chrom mi mo cheann ri chluais 's thug mi 'n gealladh dha h-uile ni dheanamh mar bha e 'g iarraidh, an sin mhothaich mi a shùilean a lasadh car tiotan, agus a bhilean a' gluasad mar gu 'm biodh e ri urnuigh 's mo làmhsa fàisgte eadar a dhà làmhsan leis am beagan neart a bh' annta, agus ri aodann. Beagan an deigh sin mhothaich mi a cheann a luidhe ni 's truime air mo ghàirdean agus 'nuair chrom mi mo cheann 's mo chluais ri 'bhial dh' aithnich mi gu'n do shiubhail an t-anam o dhuine cho ionraic agus cireachdail 's a sheas riamh air bonn bròige.

Tharuinn mi mo làmh air falbh gu socrach, dhùin mi a shuilean agus ehuir mi brat de chainbe thairis air a chorp, 's gu dearbh b'e sin a bhrat-bhròin dhòmhsa. Leig mi fios do 'n triùir eile bha caithris còmhla rium gu 'n do dh' éug an sgiobair, ach cha d' thubhairt iad moran.

Aig ceithir uairean dhe 'n oidhche no 'sa mhaduinn, mu bhristeadh a chamhanaich dhùisg sinn an fheadhainn eile gu 'm faire chumail, 's thug sinne ar n-oidhirp air cadal; ach is gann a shocraich sinn ar cinn mar b' fhearr a b' urramaid 'nuair chualas sgal no sgriach cho oillteil, tiamhaidh, eagallach 's a chuala mac duine riamh-b'e sin ar beachd aig an àm co dhiu-agus an so fhearaibh 's fhearr dhomh sgur an dràs; oir tha 'n cadal orm fhein agus tha mi làn chinnteach gu'm bheil sibh fhéin ro fheumach air 'ur leapaichean a thoirt oirbh.

C.—Tha mi deònach, a Thearlaich.

D.—B' fhearr leam fhein fios bhi agam ciod e an ràn a bha 'n sud, ach cluinnidh sinn uaireigin eile.

(Ri leantuinn.)

Cha'n 'eil aoibhealachd 'na dearbhadh gu 'm bheil an inntinn aig fois, oir is tric "am meadhon gàire gu 'm bheil an cridhe dubhach."

Seachain, mar a sheachaineadh tu an nathair, an neach a sgrìobhas gu mi-mhodhail, ach fathast a labhrast gu milis.

[TD 311]

[Vol. 6. No. 39. p. 7]

Domhnull an Oir.

LE FIONN.

Cha'n eil mi cinnteach cia mar a dh' éirich am far-ainm so. Tha cuid ag radh gu'n d' fhuair Dòmhnall ulaidh agus gur e so a chuir air a chasan e, 's tha feadhainn eile 's a bheachd gur ann a rinn e 'airgiod thairis, ach 's naigheachd eile sin. Coma co dhiu, thill Dòmhnall gu sgìreachd 'òige an déigh dha 'bhi air falbh fad fhichead bliadhna, agus cheannaich e tigh eireachdail anns a' chlachan. Bha Dòmhnall 'n a bhantrach, ach bha aon nighean aige-caileag bhòidheach mu naoi-bliadhn'-deug a dh' aois. Bha an nighean so barraichte air ceòl, 's b' ionann dhi fiodhall no clarsach. Cha robh latha nach tugadh i tacan orra le chéile, agus cha'n iarradh a h-athair ni b'fheàrr na bhi 'g éisdeachd rithe. Ged a bha tigh Dhòmhnuille an Oir na sheasamh car leis féin, bha tighean eile gu math faisg air. Aig dara ceann an tighe bha ceàrdach Sheumais mhóir, agus aig a' cheann eile bha bùth Phara-nan-sliseag, a bha na shaor-chairtean anns an sgìreachd o chionn còrr agus leth chiad bliadhna. Bha na seòid so eòlach air Dòmhnall mu'n d' fhàg e riamh an sgìreachd agus chuir iad fàilte chridheil air 'n uair a thill e, ged a bha am beachd fhéin aca air cia mar a rinn Dòmhnall a bheairteas. Goirid an déigh do Dhòmhnall 's d'a nighean dol a chòmhnuidh do 'n tigh mhòr a cheannaich e, thachair e latha 'bha sin gu'n robh Seònaid b'e sin ainm a nighean, a cur an òrdugh air son Coinneamh-chiùil mhòir a bha ri bhi 's an Oban Lathurnach gu goirid. Bheireadh i tacan mu seach air fìdhil 's air clàrsaich, 's bha a h-athair, aig an robh deagh chluais-chiùil, làn riarraichte le grinneas laimh a nighinn, agus cinnteach gu'n coisneadh Seònaid urram na Coinnimh-chiùil. Ann an teis meadhon a chiùil thòisich òrd mòr na Ceardaich air bualadh, 's chuir so an ceòl air feadh na fìdhle. Stad Seònaid d'a ceòl gus am bitheadh an t-òrd mòr aig Seumas gobhainn na thosd, 's cha robh i féin no 'h-athair idir toilichte. An ùine ghoirid sguir fuaime an ùird, agus thòisich Seònaid air a ceòl. Cha deachaidh i fada air a h-aghaidh leis 'n uair a dh' éirich buaires eile, oir thòisich Para-nan-sliseag air òrdaireachd gun chiall 's e cur ùrlar ùr ann an cairt Dhòmhnuille-an-Achaidh. "Cha dean so feum, a Sheònaid," ars' a h-athair 's e 'g éirigh, "phàigh mise gu daor air son an tighe so agus 's bochd an gnothach mur faigh sinn sìth is sàmhair ann; mu'n seas mi'n stairich 's an làmhach so ni 's fhaide, bheir mi air a' gobhainn's air an t-saor dol air imrich ged a dh' fheumainn peighinn

no dhà a chur am bois gach fir aca chum an saodachadh air falbh." "Tha mi'n dòchas," arsa Seonaid, "gu'n soirbhich leibh 'athair, oir tha e eu-comasach cluich anns an ùpraid so." "Cha'n eil cùram nach soirbhich leam, oir tha iad le chéile glé fheumail air na sgillinnean." 'S e bh' ann gu'n deachaidh Dòmhnall an Oir an taobh a bha'n gobhainn, o'n a b'e a b'fhaisge dha, agus dh' innis e dha mar a bha cùisean agus dh'fheuch e ri impidh a chur air imrich a dheanamh, ag gealltuinn dha còig puinnd Shasunnach a chuideachadh costas na h-imrich. "Chi sinn," thuirt an gobhainn, "agus leigidh mi fios duibh gu goirid ma gheibh mi àit' eile freagarrach air son ceàrdaich." Chaidh Dòmhnall an Oir 's thug e a' cheart thairgse do Phara-na-sliseag agus is gann a bha Dòmhnall 'na thigh féin 'n uair a bha'n gobhainn a null a dh'fhaicinn Phàruig, agus chual e ciod a thuirt Dòmhnall an Oir ris an t-seann duine. "A dhuine chridhe," arsa Seumas gobhainn, "nach ann oirnn a thàinig 'n uair a dh'fheumas sinn dol air imrich a thoileachadh gràisg de dh'fhìdhleirean 's de chlàrsairean." "'S ann agad tha'n fhirinn," fhreagair Para-nan-sliseag, "ach nach e 'n gille 'n t-airgiod?" "Is e gun teagamh," fhreagair an gobhainn, "ach 's tric a mhill an cleasair-fhichead am fichead cleas. Cha do bhlàthaich mo chridhe riamh ri Dòmhnall an Oir, ged nach 'eil fhios agam c'ar son, agus bhithinn coma ged a leigemid fhaicinn da ged is math an t-òr 'na àite fhéin, nach ceannaich e na h-uile rud, 's gu bheil daoine aig nach 'eil òr idir a cheart cho tapaidh risan." "Ciod mata tha tha thu bràth a dheanamh?" arsa Para-na-sliseag. "Ma ta, innsidh mise sin dhuit. Anns a' chiad àite is math a laidheas na còig-puinnd-Shasunnach aig Dòmhnall an Oir oirnn le chéile agus bithidh iad againn. Tha mi tuigsinn gu bheil Dòmhnall 'sa nighean a' dol bho 'n tigh air an ath sheachdain, agus tha iad ri bhi air falbh ré an t-samhraidh. Mu 'm falbh e their sin ris, mar chomain dhasan gu bheil sinn a' dol air imrich, ged tha e car ceàrr agus cosdail sin a dheanamh; agus ma bheir e dhuinn na còig-puinnd-Shasunnach sin gu 'm bi'n imrich seachad mu'n till e." "Tha sin ciallach gu leòir ri éisdeachd ris," arsa Pàruig, "ach, fhir mo chridhe, c' àite bheil sinn ri dol?" "Cha 'n 'eil fada," fhreagair an gobhainn, "théid thusa do 'n cheàrdaich agamsa agus thig mise a nall an so." "A Mhoire, Mhoire! nach tu tha fada 's a' cheann," arsa Pàruig. Is imrich sin gun teagamh, ged a bhios caochladh bharaill aig Dòmhnall an Oir air a' chùis 'n uair a thilleas e." "Mo thogair," fhreagair an gobhainn, "mar thuirt Eóghan amadan e-'Bitheadh esan a' bruidhinn tha

(Air a leantuinn air taobh 312.)

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,<gai>

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 312]

[Vol. 6. No. 39. p. 8]

(Air a leantuinn o thaobh 311.)

na h-uibhean againne'-bithidh an t-airgiod againne 's faodaidh
Dòmhnall an Oir a bhi feadaireachd no fìdhleireachd." 'S e mar bha
gu'n d'innis iad le chéile do Dhòmhnall an Oir gu 'n robh iad a' dol
air imrich ged a bha e car dùilich àite freagarach fhaotainn, 's ged
a bha cuid mhath de chostas daonnan an lorg na h-imrich. Chuir

Dòmhnall an Oir a làmh 'na sporan agus chunnd e cóig buinn òir ann am bois gach fir, agus dh'fhàg e beannachd aca le chéile a' guidhe soirbheachadh math dhaibh leis an imrich.

Goirid mu 'n do thill Dhòmhnall an Oir 'sa nighean, rinn na seòid an imrich. Cha robh imrich riamh anns an sgìreachd a bha cho ainmeil rithe. 'N uair a thill Dhòmhnall an Oir thuig e mar thug na seòid an car ás, làs a chorruich agus 'se 'thàinig ás gu 'n do reic e 'thigh agus dh' fhàg e 'n sgìreachd 's cha 'n fhacas innte riamh 'na dhéigh e. Mur do shiubhail e bho sin tha e beo fhathasd.

Oran eile do Mh----g.

LEIS A GHILLE GHLAS.

A nighean donn nam blàth-shùii
A dh' fhàg mi fo ghruaman,
Gur truagh nach robh mi làmh riut
Ged tha mi fo smuairean
'Se sealladh dhe d' bhlàth-shùil
A dh' fhàgadh mi uallach,
'S gur h-e 'bhi laidhe làmh riut
A ghràidh 'dheanadh buan mi.

Gur tric mi ort a smaointean.
Do ghaol 'rinn mo bhuaireadh,
Cha stòras, òr, no maoin
Tha mi smaointean a bhuannachd;
'Si mhaise tha 'nad aodann
A chaochail mo shnuagh dhìom,
Is ged nach dean mi t' fhaotainn
Cha'n fhaod mi bhi 'n gruaim riut,

Do phearsa dìreach, dealbhach
Gun chearb oirr' ri leirsinn
'S i cuimair, deas, neo-mharbhant'
Cha talaicheadh neach fo'n ghréin ort.
Mar dhaoimean ann an airgead
A dealradh am measg cheudan
'S ged tha thu measail ainmeil
Cha 'n aithnichear ort fhéin e.

Do chùl dubh-dhonn dualach
'S e suas an deagh òrdugh,
'Na chamagean m'ad chluasan
'Na dhuail mar bu nòs dha,
Thug Nàdur dhuitsa buaidhean
Nach d' fhuair iomadh òg-bhean
'Se 'n t-seirce tha 'nad ghruaidhean
A bhuaill mi 's a leòn mi.

An raoir a rinn mi bruadar
(Gur truagh 'rinn e m' fhàgail)

Gu'n robh thu ri mo ghualainn
Air chuairt anns an ghàradh,
'S am mach air feadh nam bruachan
A cluaineas le càirdeas,
Ach 'nuair a rinn mi gluasad
Cha d' fhuair mi thu làmh rium.

Thug mi cion nach crìochnaich
Am bliadhna do 'n òg-bhean,
Maigedean bhanaid chiallach
'Ni gnìomh ann an seòmar,
A tha de'n chinneadh fhiachail
De fhìor fhuil Chloinn Dhòmhnuille
A chiosanaich Cloinn Dhiarmaid
Air sliabh Inbher lòchaidh.

Bheirinn as a bhùth dhut
Gun dùil riutha brògan,
Chuirinn sid g' ad iunnsaidh
Is flùrs a bhiodh bòidheach,
Bheirinn seachad ionmhas
A rùin air son pòg bhuat
'S gu'm b' fhearr na muillean crùn
A bhi dlùth dhut an còmhnuidh.

Tha thu uasal, sìobhalta
Grinn ann ad nàdur,
Gun chron ort 'tha ri innse
Gun ghiomh dha do nàbuidh.
Cha 'n aithne chomh, cha 'n innis mi,
'S cha 'n fhiach mi ri 'n àireamh
A liuthad fear 'tha 'n ti ort
'S a stri ri do mhàran.

B' fhearr leinn gu robh sinn eòlach air M----g, ge b'e co i, no
c'àite 'm bheil i còmhnuidh. Agus b' fhearr leinn cuideachd gu'n
toireadh cuid-eigin comhairl' air a Ghille Ghlas; tha eagal oirnn
gur h-ann a théid e gòrach mu bhòidhchead 's mu mhathas a leannainn.
Tha e a reir coltais tinn le gaol.

An Gille Dubh Ciar-Dhubh.

Is truagh gu'm biodh sluagh
A clo-bhualadh nam briagan!
Cha b'e an léigh gasd' ud
Mac-Lachainn na fialachd
A sgriobh an dàn fileant'
Mu 'n ghille dhubh chiar-dhubh.
'Mhic-Talla, 'Mhic-Talla,
Na creid an sgeul ùr.
'Mhic-Talla, &c.

Mu 'n d' rugadh am bàrd sin

Le thàlantàn òirdheirc,
Bha mnathan 's gach àite
De 'n Ghaidhealtachd bhòidhich,
A seinn d' an cuid cloinne
Mu 'n ghille dhubh òg ud.
'Mhic-Talla, 'Mhic-Talla,
Na creid an sgeul ùr.
'Mhic-Talla, &c.

Cha 'n eil air an t-saoghal
R'a fhaotuinn 'san la so,
Fear-seanachais a dh' innseas
Co b'i an òigh mhàlda
A sheinn mu 'n fhear chiar-dhubh
Bu mhiann leatha làmh-rith'.
'Mhic-Talla, 'Mhic-Talla,
Na creid an sgeul ùr.
'Mhic-Talla, &c.

CUID-EIGINN.

'Se 'n clo-bhuladair a rinn am mearachd air am bheil an duanag so a cur sios. Bha oran leis an Dotair Mac Lachuinn air an aon taobh dhe'n phaipeir, "Och mar tha mi," agus 's ann a chionn bu chòir na facail "Leis an Dotair Mac Lachunn" a bhi air an cur.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige neo sgrìobh uige.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON.<gai>
Sidni, C. B.
Tha sinn a' cumail acuinn-each, carbadan agus trungaichean.

\$1.00 air 80c.

Tha tuilleadh 'sa choir de bhathar tioram againn, agus fad da sheachdain bheir sinn seachad fiach dolair de bhathar air ceithir tasdain (80c.) a dh' airgead. Thig mu 'm bi 'n t-am seachad agus FAIGH BARGAN.

<eng>McDonald Hanrahan & Co.<gai>
Sidni, Iulaidh 16, '97.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN

DOTAIR FHIACAL,

OIFIG-0s cionn Stor Harrington,

SIDNI, C. B.

[TD 313]

[Vol. 6. No. 40. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, <eng>1 APRIL, 1898. No. 40.<gai>

ALASDAIR MAC COINNICH. Chaochail an Gaidheal gasda, dileas so, o chionn beagan us da mhios air ais ann an Inbhirnis, an Albainn, far an robh e 'gabhail comhnuidh re iomadh bliadhna. Is ann an inbhe iosal a rugadh e, ach cosmhuil ri mìle Gaidheal eile, dh' eirich e anns an t-saoghal le 'dhichioll 'us le 'thapadh fein gu aite ard, measail. Is e duine laidir, lamhach, foghainteach a bha ann; agus ann an stri nan lann bhitheadh an namhaid sud dan, a bheireadh oilbheum dha. Bha meas 'us gradh ro-mhor 'us bunaiteach aige air na Gaidheil agus air canain 'us abhaistean nan Gaidheal. Ann an 1875, thoisich e fein agus a bhrathair Uilleam, air an Leabhar-naigheachd Ceilteach. Bha <eng>Celtic Magazine<gai> ga chur a mach gach mìosa. Bha na Gaidheil 'us na sgoilearan a b' fhearr ann an Albainn a' sgrìobhadh airson an Leabhair-naigheachd so. Bha fiosrachadh gle thogarrach air a thoirt seachad ann am Beurla 's an Gaidhlig anns an Leabhar so. Thionndaidh Mac Coinnich gleusda aire nan Gaidheal agus nan Albannach gu leir, a dh' ionnsuidh nan daoine 'bha treubhach anns a' Ghaidhealtachd anns na linntean a dh' aom; agus a dh' ionnsuidh nam bard agus nan daoine foghlumte 'bha am measg nan Gaidheal o shean. Sgrìobh Mac Coinnich iomadh leabhar air am bheil meas mor a nis, agus a tha 'nochdadh cia co dhiollach 's a bha e, 's cia co comasach 's a bha e air Beurla ghlan, chruaidh, sgairteil a sgrìobhadh. Thar leam, oir ma 's maith mo chuimhne, ghleidh e an Leabhar-naigheachd Ceilteach air aghaidh re fichead bliadhna. B'e caraid gaisgeil, neo-sgathach nan croitearan 'us nan daoine bochd anns a' Ghaidhealtachd a bha, da rìreadh, ann am Mac Coinnich. Sgrìobh e leabhar, d' an tug e 'n t-ainm <eng>Highland

Clearances,<gai> anns an tug e sgeula tiamhaidh air gach eucoir a rinneadh ann an dùthaich nan Cattach air na Gaidheil bhochda. Ged nach bitheadh annta ach ainmhidhean na macharach, cha b' urrainn doibh barrachd naimhdeis no an-ìochdmhorachd fhulang na rinn iad. Dhoirt Gaidheil Chataoibh 'us Gaidheil eile am fuil mar uisge air iomadh blar cogaidh an aghaidh Napoleoin agus as leth saorsa Bhreatunn agus na Roinn Eòrpa gu leir. Is iad na Reisimeidean Gaidhealach a b' fhearr gaisge 's a bu mhodha sgairt 'us cruadail anns an fheachd Bhreatunnach gu h-ìomlan. Gidheadh ann an Cataobh agus ann an ionadan eile, chaidh na gaisgich ud agus an teaghlaichean a chur gun ìochd, gun trocair, leis an laimh laidir as na dachaidhean diblidh a bhuineadh doibh. Thainig moran de na Gaidheal air an deachaidh an eucoir narach, an-ìochdmhor so a dheanamh, do Chanada, 's tha an clann 's iad fein-ma tha iad fathast a lathair-sona 's neo-eisimealach air feadh ar dùthcha fein. Beagan buidheachais do Dhiuc Chataoibh 'us do Thighearna eile maille ri <eng>Sellar,<gai> an duine mosach, nimheil, ged tha na Gaidheil a dh' fhadh na crìochan acasan agus a dh' fhuiling foirneart eagalach uathasan, an diugh sona, 's a mealtuinn soirbheachadh gasda, 's a' togail an cinn 's an ainm anns gach dreachd 'us inbhe a's modha onoir, 'us molaidh, 'us ughdarras ann an Canada. Is gle mhaith a's aithne do MHAC-TALLA 's d'a chairdean lionmhor, gu d' rugadh ann an Nobha Scotia, an Ontario, 's anns na Roinnean eile 'bhuineas do Chanada, iomadh, iomadh Gaidheal laidir, deas, le cliabh farsuing treun, nach tionndadh a shlinnean ri namhaid air bith air muir no tir. Bha Mac Coinnich ann an Canada o chionn beagan bhliadhnachan, agus chunnaic e le 'shuilean fein, cia co mor 's a tha 'n t-agh 'us an sonas 's an comas airson eirigh agus a bhi teoma, cumhachdach, tabhachdach, a tha aig ar luchd-dùthcha bho aon chuan an-mhor gu cuan iongantach eile. Tha doilgheas mor orm fein gus an la 'n diugh, nach robh mi ais an tigh an trath a thainig Mac Coinnich g' am fhaicinn le caoimhneas cairdeil. O'n bha e gun tamh gun sgios a' togail a ghuth 'us a' sgrìobhadh co duineil, dìreach, geur, as leth nan croitearan, bha iarrtuis domhainn aig a chairdean gu rachadh e do 'n phàrlamaid ann an Lunnainn. Is e mo bheachd nach d' rinn e oidheirp riamh air dol do 'n phàrlamaid, ged bha e daonnan deas 'us toileach air cuis nan croitearan a sheasamh agus a dhion leis gach eud, 'us cumhachd, 'us eolas a bha aige. Thubhairt e gu firinneach nach tigeadh gu brath àm eile anns am bitheadh a chridhe aig Diùc no Tighearna, ard no iosal, air eucoir no ainneart no cron uamhasach a dheanamh air feadh Albainn leis gach eilean Gaidhealach, air iasgair no croitear, air duine bochd gun lagh gun treoir, no air bantrach gun charaid laidir 'us le clann òga, mhaoth ri thogail 'us ri eiridinn.

B' abhaist do Mhac Coinnich a bhi 'sgrìobhadh gu pailt airson an Leabhair-naigheachd a chur e fein agus a bhrathair air chois. Sgrìobh e eachdraidh nan Domhnullach agus Tighearnan nan Eileanan. Sgrìobh e eachdraidh Domhnullaich Chloinn-Raonuill, agus Domhnullaich Ghlinne-garaidh. Sgrìobh e eachdraidh Chloinn Mhic Mhaith. Is i mo bheachd gu do sgrìobh e eachdruidh a chloinn fein, Clann Mhic Coinnich. Mur eil mi fada am mearachd, bha e sgrìobhadh-an deigh dha crìoch a chur air eachdraidh nan Rothach-eachdraidh nan Rosach, an uair a thainig crìoch obann air a laithean 's air an

neart anns an t-saoghal so. Cha 'n e duine sean idir a bha ann, agus bha moran treoir fathast aige an uair a chaochail e. Tha briathran an t-salmadair fìor, co-dhiu tha daoine òg no sean, lag no laidir, "An duine, mar fheur tha a laithean, mar bhlath na macharach, mar sud fasaìdh e fo bhlath, oir gabhaidh a' ghaoth thairis, agus cha bhi e ann; agus cha 'n aithnich ionad fein e ni 's mo." Bha Mac Coinnich daonnan curamach agus dichìollach ann an trusadh gach eolais a b' urrainn da fhaotuinn thall no bhos mu dheibhinn nan clann no nan daoine mu'm b' aill leis eachdraidh pongail, ceart a sgrìobhadh. Cha 'n ann gun saothair chruaidh a chaidh thairis air iomadh bliadhna 'sgrìobh Mac Coinnich na leabhraichean a sgrìobh e, 's a bheir tlachd, 'us toileachadh 'us eolas, cha 'n ann a mhain doibhsan a tha 'giulan ainm nan clann air am bheil Mac Coinnich a' tabhairt eachdraidh fhìreannaich duinn, ach mar an ceudna do gach Gaidheal eile a tha cosmhuil ri MAC-TALLA 'us rium fein, deonach a bhi 'lionadh ar cridhe 's ar n-inntinn le eolas air buaidhean, 'us euchdan, 'us abhaistean laghach, muirneach nan Gaidheal bho 'n tainig, sinn 'us a bha mor, 'us maith 'us carthannach 'n an latha 's 'nan inbhe fein. Dh' fhag Mac Coinnich dileab luachmhor 'na dheigh. Shaothruich e gu duineil, eudmhor airson nan Gaidheal. Dh' fhag e eolas 'us eachdraidh moran ni 's fhèarr 'us ni 's beartaiche na bha iad ann an tus an laithean, le a dhichill, 'us a dheanadais. An trath a ghabhas sinn beachd air gach ni 'rinn Mac Coinnich, tha MAC-TALLA 's mi fein a dh' aon inntinn, 'n uair a tha sinn a' creidsinn gur coir do gach Gaidheal ann an Canada, eisimpleir Mhic Coinnich a leantuinn, agus an culaidh-mhaitheis a dheanamh a reir an eolais agus an comais air caoimhneas agus comhnadh a bhuileachadh air a Ghaidhlig 'us air gach ni 'bhuineas do na Gaidheil.

CONA.

[TD 314]

[Vol. 6. No. 40. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. XII.

Cha do chum mi ni sam bith an cleith air an rìgh. Dh' innis mi dha gach ni a dh' innis mi dhuibh fhein; agus chuir mo naigheachd a leithid de dh' iognadh air 's gu'n d' ordaich e gu'm biodh i air a' sgrìobhadh ann an litrichean oir, agus air a tasgadh am measg seann-sgrìobhaidhean na rìoghachd.

Mu dheireadh thugadh an rath an lathair an rìgh, agus dh' fhosgladh na saic anns an robh na seudan agus na nithean luachmhor eile 'bh'agam. Chord gach ni a bh' anns na saic anabarrach math ris. Bha seudan is neamhnuidean annta a bha moran na bu bhriagha na h-aon dhe'n t-seorsa a bh' aige fhein.

An uair a thug mi an aire gu'n robh na seudan a' toirt mor thaitneas dha, leig mi mi-fhein 'nam shineadh aig a chasan, agus ghabh mi orm de dhanadas labhairt ris mar so:—"Le 'r cead, a righ, faodaibh sibh feum sam bith a thogras sibh a dheanamh dhe gach ni a bhuineas dhomhsa; oir tha mise 'g am chur fhein agus gach ni a bhuineas dhomh gu saor ann bhur lamhan."

Thainig fiamh gaire air, agus thuirt e, "A Shindbaid, bheir mi an aire nach sanntaich mi ni sam bith a bhuineas dhut, agus nach toir mi ni sam bith uat dhe na thug Dia dhut. An aite do mhaoin a lughdachadh, is ann a tha 'run orm a meudachadh. Agus cha leig mi air falbh as an rioghachd thu gun iomadh ni a thoirt dhut." Cha d' thug mi de fhreagairt air ach gu'n do ghuidh mi gu'm biodh soirbheachadh aige, agus gu'n do mhol mi e air son cho fialaidh 's a bha e. Dh'ordaich e do dh'fhear dhe na oifigich curam a ghabhail dhìom, agus gach ni a bhiodh a dhith orm a thoirt dhomh air a chosg fhein. Rinn an t-oifigeach gach ni mar a dh' aithn an righ dha, agus thug e fa near mo chuid badhair a chur gu sabhailte do 'n taigh anns an robh mi gu bhith 'fuireach.

Aig an uair araidh chaidh mi gach latha do chuir an righ, far an robh mi greis a' comhradh ris. Bha mi 'caitheamh a' chorra dhe'n latha air feadh a' bhaile, agus a' gabhail beachd air gach ni iongantach a bha ri fhaicinn ann.

Is e eilean mòr do'n ainm <eng>Serendib<gai>, a th' anns an rioghachd. Tha e dìreach ann am meadhain an t-saoghail, agus air an aobhar sin, tha 'n latha 's an oidhche 's an aon fhad o cheann gu ceann dhe'n bhliadhna. Tha 'n t-eilean dluth air trì cheud mìle air fad 's air leud. Tha ceann-bhaile na rioghachd ann an gleann maiseach, agus tha beinn ann am meadhain an eilean, agus tha e air a radh gur i beinn a's airde a th' air an t-saoghal. Chithear i astar thri latha seolaidh air falbh. Tha moran de chlachan luachmhor dhe gach seorsa ri 'm faotainn anns a' bheinn so. Tha craobhan dhe gach seorsa fo 'n ghrein a' fas anns an rioghachd so. Tha daoimein ri 'm faotainn innte mar an ceudna. Tha neamhnuidean ro luachmhor ri 'm faotainn anns a' chuan faisge air beul na h-aimhne. Is anns an eilean so a tha 'bheinn do 'n d'fhuadaicheadh Adhamh an deigh a chur am mach a Parras, agus chaidh mi a dh' aon ghnòthach gu mullach na beinne gus an t-aite anns an robh e 'fhaicinn.

An uair a thainig mi air m' ais do'n bhaile, ghuidh mi air an righ cead a thoirt dhomh tilleadh do m' dhuthaich fhein; agus thug e an cead sin dhomh gu h-aidheil toilichte.

Chuir e roimhe gu'n tugadh e dhomh tiodhlac ro luachmhor; agus an uair a chaidh mi 'ghabhail mo chead dheth, thug e dhomh tiodhlac a bha moran na bu luachmhoire na bha mi 'n duil a bheireadh e dhomh. Aig a' cheart am thug e dhomh litir a bha e cur a dh'ionnsuidh ar righ, agus thuirt e rium, "Tha mi 'guidhe ort thoir an tiodhlac agus an litir so uamsa a dh'ionnsuidh an Righ, Haroun Alraschid, agus innis dha gu 'm bheil meas mor agamsa air."

Ghabh mi an tiodhlac agus an litir uaithe, agus gheall mi dha gu'n

tugainn do'n rìgh iad; agus thuirt mi ris gu'n robh mi meas gu 'n do chuir e urram mòr orm an uair a dh' earb e a leithid de ghnòthach rium. Mu'n do sheol mi, chuir e fios a dh'ionnsuidh nam marsantan, ag iarraidh orra meas a bhith aca orm, agus urram a thoirt dhomh.

Bha 'n litir so air a sgrìobhadh air craicinn a bh' air ainmhidh a bha anabarrach tearc ri fhaotainn anns an t-saoghal, agus b' e dath buidhe a bh' air a' chraicinn, agus bha'n sgrìobhadh air a dheanamh le dath a bha eadar a bhith goirm 's a bhith uaine. B'e so na briathran a bh' innte:-

"Rìgh nan Innsean, roimh am bi ceud elefant ag imeachd, a tha chomhnuidh ann an luchairt a tha dealradh le ceud mìle rubaidh, agus aig am bheil fichead mìle crùn a' dealrach le daoimean a dh' ionnsuidh an Rìgh Haroun Alraschid:

"Ged nach 'eil an tiodhlac a tha sinn a' cur do 'r n-ionnsuidh ach suarach, gabhaibh e mar bhrathair, agus mar charaid, mar chomharradh air a' chairdeas a th' againn ruibh, agus air am bheil toil againn dearbhadh a thoirt dhiubh. Tha toil againn gu'n nochd sibh cairdeas dhuinn air a' cheart dhoigh, oir tha sinn a' creidsinn gu'm bheil sinn airidh air, air dhuinn a bhith ann an co-inbhe ruibh fhein. Tha sinn 'ga radh so ruibh mar bhrathair.-Slan leibh."

B'e an tiodhlac, an toiseach, aon chupan, a bh' air a dheanamh a aon rubaidh, a bha mu leith troidh air airde, agus mu oirleach air tuighead, lan de neamhnuidean mora; a rithist, craicinn nathrach air an robh lannan a bha cho leathann ri bonn oir, agus a chumadh gach tinneas air falbh o neach sam bith a laidheadh air; an treas ni da cheud punnd de dh' fhiodh alois, trì fichead cnap de champhor; agus an ceathramh ni, banoglach anabarrach maiseach air an robh trusgan a bha comhdaichte le seudan ro luachmhor.

Sheol an long, agus ged a bha i uine mhor air a turus gu ruige Balsora, rainig i gu sabhailte mu dheireadh. An uine gun bhith fada thainig mi do Bhagdad, agus gun dail sam bith chaidh mi leis an litir agus leis na tiodhlacan a dh'ionnsuidh an rìgh. An uair a rainig mi an geata, dh'innis mi ceann mo thuruis, agus gun dail sam bith thugadh an lathair an rìgh mi. Thug mi umhlachd is urram dha mar a bha iomchuidh dhomh a dheanamh, agus an uair a labhair mi beagan fhacal ris, thug mi dha an litir agus na tiodhlacan. An uair a leugh e an litir, dh' fheoraich e dhìom an robh rìgh Sherendib cho saibhir agus cumhachdach 's a bha e fhein ag radh? Leig mi mi-fhein 'nam shineadh an dara uair, agus an uair a dh'eirich mi thuirt mi, "A Cheannaird nan creidmheach, theid mi am barantas dhuibh nach 'eil aon fhacal anns na thubhairt e ach an fhirinn. Tha mise 'nam shuil-fhianuis air. Cha'n 'eil ni sam bith a's mo a chuireadh a dh'ìoghnadh air duine na meud agus maise na luchairt aige. An uair a theid e 'mach am measg an t-sluaigh, bidh e 'na shuidhe air cathair a bhios air a cheangal air druim elefant, agus bidh ard-mhaithean na rìoghachd, agus uaislean na cuirte, ag imeachd air gach taobh dheth. Bidh oifigeach 'na shuidhe air a bheulaobh aig am bi sleagh oir 'na laimh; agus bidh oifigeach 'n sheasamh air chul na cathrach, aig am bi colbh oir 'na laimh, agus air barr a' cholbh so bidh

<eng>emerald<gai> anns am bheil leith-troidh air fad, agus orleach air tiuigheadas. Bidh mìle saighdear, air an eideadh ann an aodach oir, a' marcachd roimhe air ceud elefant, a bhios air an comhdachadh le aodach riomhach.

An uair a bhios an rìgh ag imeachd air aghart, bidh an t-oifigeach a bhios air a bheulaobh a' glaothaich o am gu am le guth ard, "Faicibh an rìgh mòr, cumhachdach, do-chiosnaichte, rìgh nan Innsean aig am bheil a luchairt comhdaichte le ceud mìle rubaidh, agus aig am bheil fichead mìle de chruin dhaoimean. Faicibh an rìgh a's mo gu mòr na Solamh."

An deigh dha na briathran so a labhairt tha 'n t-oifigeach a bhios air chul na cathrach a' glaothaich, "Feumaidh an rìgh so, a tha cho mòr agus cho cumhachdach, am bas fhulang."

An sin freagraidh an t-oifigeach a th' air beulaobh na cathrach, agus their e, "Moladh gu robh dhasan a bhios beo gu sìorruidh."

"A bharrachd air so, tha rìgh Sherendib cho ceart 's cho cothromach 's nach 'eil feum air breitheamhna anns an rioghachd. Cha'n eil feum aig sluagh na rioghachd orra. Tha iad a' tuigsinn agus a' deanamh ceartais le 'n lan thoil fhein."

Thug na briathran a labhair mi mòr thaitneas do'n rìgh. "Tha gliocas an rìgh sin," ars' esan "ri fhaicinn anns an litir a sgrìobh e; agus an deigh na dh'innis thu dhomh, feumaidh mi aideachadh gu'm bheil a ghliocas airidh air a shluagh, agus gu'm bheil a shluagh airidh gu'm bhiodh prionnsa cho glic ris a' riaghladh thairis orra."

An uair a thuirt e so, thug e cead dhomh

[TD 315]

[Vol. 6. No. 40. p. 3]

a bhith falbh, agus chuir e tiodhlac luachmhor dhachaidh leam.

An uair a sguir Sindbad a dh'innseadh mar a thachair dha air an t-siathamh turus a bha e air falbh, thug e ceud bonn oir do Hindbad, agus chaidh gach aon a bh' aig a' chuir dhachaidh.

Tomas Davies agus Cainnt ar Duthcha.

Cuiridh daoine am meas is mò air an fhear do an dual feartan ainmig agus sònruichte. Am fear nach labhair ach gu h-àbhaisteach, agus nach coisich ach ann an clais chàich, cha toir càch feart air. Is iad a' bhith bruidhinn, no 'bhith beachdachadh, no 'bhith deanamh na dh'òrdaicheas 'anam fein gu làidir da, na fianuisean air allaileachd an duine is fearr a thuigeas agus a dh'aidicheas an saoghal. Tha facal a shamhail so de dhuine ni 's mo cliù na urras an duine aithrisich abhaistich. Bithidh earbsa aig a dhlùth-chàirdean

as. Tha e calma, seasmhach, eagarra, dubhlanach. Giulainidh a leithid so de dhuine leasachadh an t-saoghail air aghart, agus bheir e buaidh air a chridhe dhaonna.

Carson nach toirteadh breith air na cinnidh mar so mar an ceudna? Nach eil coimhlionadh foirfe lan, nan durachdan duthchasach, feumail gun chumha, do ard-inbheachd cinnidh sam bith? Ma eignichear no ma bheannaichear air nosan, earradh, cainnt no caileachd na h-Eadailt, no an Fhraing, Lochlainn no America, cumar o fhas iad agus bithidh beachdan agus tuigse aoin air bith dhiubh air a thoineadh.

A' chainnt a dh' fhasàs suas le aitim no sluagh araidh, freagraidh i ri cumhacdan an teanga aca, cuiridh i an ceill gne na h-aimsireach gnathaichte aca, an caitheamh-beatha agus na cleachdaidhean aca, ceangailte mar a tha iad gun chomas dealachaidh, le aneachdraidh agus le am fearainn; agus tha a chainnt sin, thar gach cainnt eile, coma co as di, uidheamaichte gus na smaointean is bitheanta aca 'aitriseadh air an doigh is eifeachdaiche agus is daimheile.

Is ionann cainnt choimheach a thoirt air fine agus an eachdraidh-san uile a' chuir air seacharan, buailteach do gach mearachd agus sgiorradh agus faoine an fhir-minichidh-is ionann e agus ionannachd an t-sluaigh le gach aite a' reubadh as a cheile:-is ionann e agus athiltean no comharraidhean gun seadh, a shuidheachadh an àite ainmean lan tuairisgeul agus brigh-is ionann e agus oighreachd dhuthchasach charthannachd a' chridhe a' bhristeadh agus an sluagh a dhealachadh o an sinnsearan le aigean gun aiheal nach teid drochaid thairis air gu brath-is ionann e agus am baill-cuirp a' dheanamh breun agus an comas iabhairt a' chur an lughad.

Is i cainnt oigeachd sluaigh sam bith an aon chainnt dhiongmhalta shocair, a fhreagras a' mhain agus gu h-aonarach do a lan aois agus do a shean-aois. Agus an am do 'n chainnt sin falbh, theid an sluagh anns an uaigh.

Ciod e am feum aig an Ruisianach air cainnt triobuailteach na h-Eadailt? Cia mar a thigeadh e ris a' Ghreugach a theanga a' chuir an cuma agus aigean a' dhochunn le bhith bruidhinn Dùidsich air bruthaichean Hymettus no air cladach Shalamis, no air an fhasach far an robh Sparta? Agus an iomchuidh do 'n Ghaidheal fheargach, mhin-bhriathrach a chànainn shoirbh a' threigsinn, cainnt cho sgairteil ris fein, cho binn ri ceòl, cho laidir ri tonn-an iomchuidh gu 'n treigeadh e an teanga shaor so, neo-smachdaichte, dho-cheannsachadh, sho-labhairt, air canainn mheasgta an iomadh ail, ris an abrar Beurla a dhiosgaineas agus a shlacaicheas, dh' aindeoin a treisead, mu Ghaidheal sam bith a fheuchas rithe?

Thachair oirnn o chionn ghoirid smuain ard-inntinneach ann an "Triadan Mhochmed" chaidh a chlo-bhualadh anns na "Claran Cuimrich" le "Comunn Riaghlaidh nan Iomradh:" "Tha tri nithean ann nach seas duthaich sam bith as an eugmhais-eadhon, comunachadh ann an cainnt, comunnachadh ann an laghan, agus comunnachadh ann am fearann-treabhaidh; taobh am muigh dhiubh so, chan urrainn do dhuthaich i fhein a' shesamh ann an sith no ann an aonachd chonaltraich."

Cinneach gun a chainnt fhein aige, cha'n eil innte ach leth-chinneach. Is coir do chinneadh a chainnt a' dhionadh ni 's mo na a thir—Is didean ni 's daingeann agus iomall ni 's fiughaile i na dun no abhainn.

Agus bu e sin am beachd anns na h-amannan a b' fhearr. Co an Greugach aig an robh de chridhe riamh a' chuir air sùilean d'a luchd-dùthcha a' chainnt Phersianach no Eiphiteach'uchd-mhacachadh anns a' Ghreig-nach ann gu borb, lasanta a chàineadh Pericles an allmharach-nach ann gu h-eagallach a sgiursadh Cato bho 'n Fhorum am fear a bheireadh a' chainnt Ghreugach no Cheilteach do mhuiuntir na Roimhe? Nach ann gu statail agus gu flathail a chuir a' Ghearmailt stad air aghartas snàigeil an Fhrangias? Agus dìreach an deigh di sin a' dheanamh dhùisg a' cail suas gu caithreamach agus gu fallain as an neul anns an robh i 'na siudan roimhe.

Nan do smachdaich Pyrrhus an Eadailt no Xerxes a' Ghreig re uine fada gu leor agus gu'm b' urrainn daibh cainntean eile a' sparradh orra c'àite am bitheadh an fheallsanachd bu mhàthair do àirde mac-meanmnach a' chinnidh dhaoine? Ma 's e eadhon an t saorsa fein, agus i air a cosnadh as ùr bhitheadh i driachanach breòite neo-thearuinte gun a' chainnt leis an do shealg i anns a choille, anns an do rinn i aoradh aig an altair, agus an altair fo mheas, leis an do thagradh i anns a' chomhairle, agus a thog i ann an ruathar na catha.

Ann am bàrdachd nam Fusianach tha dàn a labhras mu "Uirghioll 's saorsa caignichte." Call na cainnte dùthchasaich no gabhail ri cainnt a' choigrich, is e so an suaicheantas is tùrsaiche air geilleadh—is i slabhruidh an anma: agus call iomlan na cainnte dùthchasaich, is e sin bàs; chnaimh an geimheal troimh an fheoil. Tha dochas ann an Alba; dochas daingeann airson nan Cuimreach agus airson Hungary. Chan 'eil uirghioll a' choigrich anns a' chiad aite agus is beag nach deach e as gu buileach am measg nan Cuimrich 's nan Hungarianach.

Nach mi-nàdurra, nach millteach dhuinn e, measgadh chainntean Gearmailteach a' labhairt, agus tri ceathramhan againn le fuil Ghaidhealaich 'nar cuislean. Ma chuireas sinn ris a so na h-Albannaich a thainig a nall gu Eire eadar an tritheamh agus an t-seachdamh linn deug agus na Cuimrich Ceilteach a shuidhich ann an iomadh aite am <eng>Wexford<gai> agus siorramachdan eile ann an Laighion, tha e coltach gu'm bheil coig siathamhan dhinn 'nar Ceiltich. Ciod e an gnothach againn, ma tha, le cainnt nan Sasunnach agus nah Normanach?

Fad linntean an deigh linntean bha Gaidhlig 'ga labhairt le gach cinneadh an Eire, agus gun sgeul air a Bheurla, ach aig tearc de na cathairichean agus de na h-uaislean taobh asteach de'n chrìoch Shasunnach. Chan ann ach o chionn ghoirid a mhain a dh' ionnsaich a'amhor-chuid de 'n t-sluagh Beurla.

Cha toir dad sam bith oirnn a' chreidsinn gur maduinn na gur onarach do na h-Eirionnaich cainnt an fhir-foirnidh, a' choimhich agus an

an-sealbhadair a' labhairt, agus uirghioll ar rìghrean agus ar laoiach a' threigsinn. An e gu 'n seachnamaid teanga an Ollaimh Fhodhla, Bhriain Bhoroimhe, MhicChaura agus O' Neill, teanga Sharsfield, Churran, Mhathew, agus O' Chonnail airson teanga Strafford agus Phoynings, Shussex, agus Chromwell! Na, leigeadh Dia!!

Ni h-eadh! gu dearbh! thig na laithean geala fhathast, gu cinnteach, itealaichidh an sean bhratach ghorm gu dosrach air ar dideanan, agus cluinnear an t-sean chainnt chiatach mhalda anns an oilthigh, anns an fheill, agus anns an t-seanadh.

Ach nam fairtllicheadh oirnn a teasraiginn, gleidhidh an oidhirp dhuinn a sean fheallsanachd, a' fagail mar dhileab d' ar sliochd dearbhadh neo-theagmhachd air gu'n robh cainnt againn cho anabarrach iomchuidh airson gaoil, cogaidh, gnothaich agus sogh agus a chunnaic an saoghal riamh, agus mo thruaighe, dearbhadh air cho lag-chuiseach meath-chridheil agus a leig sinn uainn i.

Nan robh Gaidhlig aig <eng>Swift<gai>, bhiodh e air a siol a chur ri taobh na dùthchasachd a shuidhich e, agus bhitheadh iad cho beothail ri cheile aig crìoch na linne deireannaich. Nan robh Gaidhlig againn 'ga labhairt ann 1782, nach bitheadh e air stad a' chuir air ath-cheannsachadh Eire? Cha'n eil e tuilleadh agus fadalach fathasd.

Is mi-fhortanach an Gaidheal aig nach 'eil ach Beurla. Tha ainmean Gaidhealach air na cnuic, air na lochan, na h-aibhnean, na dùin

(Air a leantuinn air taobh 319.)

[TD 316]

[Vol. 6. No. 40. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'

Sydney, Cape Breton<gai>

<eng>SIDNI, 1 APRIL, 1898.<gai>

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

Rugadh GILLEASPUIG, an t-ochdamh Iarla, anns a' bhliadhna 1598. Bha e 'na fhear-cogaidh bho òige. Na shia bliadhna deug bha e air blàr a chatha maille ri 'athair an aghaidh Domhnullach nan Eilean. A thaobh 's gu 'n robh 'athair uine fhaide 'san <eng>Spain<gai>, bha cuisean 'na h-òighreachd air an earbsa ris glé òg. An 1626 ghabh rìgh Tearlach I. a stigh e do 'n Chomhairl'-Uaignich, 's gun e 'n uair sin ach na Thighearna Lathairn, agus mu aois ochd bliadhna fichead. An 1641 thug an rìgh an tiodal, Marcus Earraghaeil, da. Air an ath bhliadhna thòisich an Cogadh Sìtheil eadar buidheann an rìgh agus buidheann na pàrlamaid-na Mor-chuisich agus na Cruinne-chinn. Bha buaireas anabarrach anns an rioghachd. Bha na h-Albannaich diombach air son an rìgh a bhi fòirneadh beachdan agus cleachdaidhean na h-Eaglais Shasunnach orra, agus uime sin, ghabh moran diubh taobh na pàrlamaid. Am measg na feadhach a rinn sin bha Earraghael. Ach tha so ri thoirt fainear, nach ann an rùn cron do phearsa 'n rìgh a bha iad, ach a mhain air son stad a chur air nithe a bha iad a meas mar an-tighearnas. 'Nuair rinn na Cruinne-chinn prisonach de 'n rìgh, ghabh na h-Albannaich uamhann. Shònruich a phàrlamaid Hamilton a chur do Shasuinn le feachd a chum a theanachadh as an laimh. Bha Earraghael an aghaidh so, air a bhonn gu 'n deanadh e barrachd cron do 'n rìgh na dheanadh e do mhath do dh' Alba 'dol 'san eadraiginn. 'S e rud a bh' ann gu 'n do choinnich Cromwell, le chuid armachd, am feachd Albannach ann an <eng>Lancashire<gai>, ga 'n cur air theicheadh, agus, a cumail roimhe, shuidhich e an Dun-eideinn riaghladh a bha a reir a chridhe fhéin. Theich <eng>Montrose<gai>, a bha 'cogadh gu treun air taobh an rìgh, do 'n Olaind. Bha Alba fo 'chasan Chromwell. Chleachd Earraghael na h-uile dichìoll a chum a chumail air ais bho shail a leagail na bu truime air an tìr. Bha Mac Cailean Mor e fhéin trom gu leòr air fineachan eile na Gaidhealtachd aig cuid a dh' amaibh; ach ge be sam bith 'de choire a gheibheadh e fhein dhaibh, no am peanas a leagadh e orra aig cuid a dh' uairean, cha bu mhaith leis iad a dh' fhaotainn ana-cothrom bho na Sasunnaich. Agus ged 'se taobh na pàrlamaid Shasunnaich a bha e gabhail cha robh e leagte le mar bha cuisean a dol air aghaidh. Ghairm e fhein agus cairdean eile, dol air aghaidh Shasunn aintighearnail, eucorach agus mi-laghail. Air ball an uair 'thainig fios gu 'n robh an rìgh air a chur gu bàs, ghairm na h-Albannaich a mhac na rìgh, agus thug iad cuireadh dha a nall as an Olaind. 'S e Marcus Earraghael a chuir an crùn air a cheann an Sgoinne, air latha na bliadhn' ùire 1651, agus a cheud aon de na h-uaislean a rinn umhlachd na lathair, agus a mhionnaich a bhi dileas da. Ach 'nuair fhuair Tearlach gu cathair rioghail Shasunn an 1660, rinn naimhdean a Mharcuis casaid na aghaidh a cur iomadh olc as a leith. Chuir an rìgh Iarla Middleton, mar fhear-ionad rìgh, gu pàrlamaid Alba, an 1661, far a a robh am Marcus air fheuchainn. Chuireadh as a leth gu

'n robh e ciontach de dh' fhoill ann a bhi geilleadh do 'n rioghladh a shuidhich Cromwell ann an Alba. Fhuair e ciontach anns an ni so e, agus thugadh a bhinn a mach air Di-sathairne, an coigeamh la fichead de 'n Mhaigh,—“Gu 'm biodh an ceann air a thoirt dheth air an ath Dhi-luain aig Crois Dhun-eidin, agus gu 'm biodh a cheann air a 'chur suas air bir far an robh ceann Mhontroise air a chur, agus gu 'm biodh suaicheantas teaghlach Earraghael air a reubadh fa chomhair na pàrlamaid agus aig Crois Dhun-eidin.” 'Nuair 'rinneadh a bhinn aithnichte dha dh' eisd e le ciuine, agus fhreagair e mar so,—“Fhuair mise an onair an crun a chur air ceann an rìgh, agus a nise tha esan ga 'm chabhagachadhsa gu crun is fearr na a chrùn fhein.” Na sheasamh air an sgàlan labhair e mar so,—“Air dhomh a nise bhi 'dol do 'n t-siorruidheachd far am bheil agam ri seasamh an lathair a Bhreitheamh, tha mi a toirt fianuis nach robh lamh, air doigh air bith, agam ann am bàs an rìgh nach maireann, agus 's e m' urnaigh gu 'n gleidheadh an Tighearna an rìgh a tha lathair, gu 'n doirteadh E a mhor bheannachd air a phearsa agus air a riaghladh, agus gu 'n tugadh an Tighearna dha comhairlichean matha agus dileas.” So na facail mu dheireadh a labhair e.

Bha a Marcus pòsda ri Mairearad, nighean Uilleam Dùghlas, Iarla Mhorton. Bha da mhac aige, Gilleaspuig, an t-oighre, agus Niall, triath Ardmhadaidh; agus triùir nighean, Anna, Sine agus Màiri. Bha Màiri pòsd aig Iarla Bhraidalbin. A thaobh an doigh anns na bhàsaich Gilleaspuig Earraghael, chaidh an tiodal Marcus as maille ris fhein.

(Ri leantuinn.)

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty, <gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr taillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 317]

[Vol. 6. No. 40. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Gheibhear anns an àireamh so cunntas aithghearr air beatha a'
Ghàidheil chliùitich nach maireann, Alasdair Mac Coinnich, air a
sgriobhadh gu h-ealanta le "Cona." Tha sinn toilichte gu bheil nar
comas cuideachd a dhealbh a chur anns a' phaipear, ni tha sinn
cinnteach, a thaitneas gu math ri ar leughadairean.

Chaidh màthair an Eirionnaich ainmeil nach maireann, Tearlach
Stiùbhart Parnell, a lasgadh gu bàs 'na tigh fhéin ann an Avondale,
an Eirinn, Di-satharna s'a chaidh. Bha i 'na suidhe mu choinneamh an
teine, 'nuair a ghabh a cuid aodaich, agus ann an tiotadh bha i air
a cuartachadh leis na lasraichean. Bha i air a lasgadh cho dona 's
nach robh i beò ach gu feasgar an ath latha.

Cha'n eil aig an àm so fìor mhoran coltais gu'm bi cogadh eadar na
Stàitean agus an Spàinn, ged a tha bagraidhean 'gan deanamh taobh
air thaobh. Ach tha fìor choltas na h-aimhreit air cùisean ann an
<eng>China<gai>. Tha <eng>Ruisia<gai> an deigh i-fhéin a neartachadh
gu mor anns an dùthaich sin, agus tha e coltach gu'm feum Breatunn
i-fhéin a chur an ceill na's fhearr na rinn i roimhe so mur eil i
deònach a còirichean ann an <eng>China<gai> a chall.

Dh' fhalbh maighdeann d' am b' ainm Màiri Lorentz, á stàit
<eng>Virginia<gai>, o chionn beagan 'us mìos air ais, 's i air son a
dhol do 'n Chlondaic a shireadh a fortain. Chaidh ainm mor dhith,

agus cha robh ach gann paipear anns na Stàitean no an Canada nach d' thug iomradh oirre. Rainig i cho fada ri baile <eng>Seattle<gai>, far an robh aice ri feitheamh gus an tigeadh beagan de bhlàths an earraich. Am feadh 'sa bha i 'n sin, co thachair oirre ach seann leannan a b' àbhaist a bhi aice, agus 'se bh' ann gu 'n d' rinn iad rèit 's gu 'n do phòs iad. Cha 'n eil i dol dh' an Chlondaic idir; an àite bhi cladhach air son òir mar a bha i 'n dùil, 's ann a bhios i 'n deigh so a cumail taighe.

Beagan lathaichean an deigh do 'n t-soitheach-chogaidh "Maine" a bhi air a smùideadh as a chéile, chuir na Stàitean sgioba dhaoine a rannsachadh na cùise, agus a dh' fhaotainn a mach ciod a dh' aobharaich an spraidheadh. Chuir an Spàin sgioba dhaoine air an aon ghnothuch. Tha iadsan a chuireadh a dh' obair leis na Stàitean a nise ag innse dhuinn gur h-e 'm barail-san gu 'm b' ann o'n taobh a mach a thainig an ni sin a rinn an cron; agus tha iadsan a bha 'g obair do 'n Spàin ag innse gur h e 'm barail-san gu 'm b' ann air bòrd an t-soithich a bha e. Cha 'n eil fhios co ghabhas creidsinn; ach a dh' aon ni, cha 'n eil ach àireamh gle bheag a creidsinn gu robh coire sam bith aig an Spàin anns a ghnothuch. Faodaidh gu 'n d' rinneadh an cron le Spàintich, ach cha b' ann air aithne no le toil an Riaghlaidh a rinn iad e.

Thachair sgiorradh muladach aig Acarsaid Chloinn Fhionghain, Di-dònaich s'a chaidh, leis 'n do chaill gille beag, aois da bhliadhn' deug, mac do Thormad Mac Fhionghain, a bheatha. Bha e 'toirt each gu deoch, agus gu gòrach cheangail e an ròp a bh' aige 'n ceann a bheothaich mu theis-meadhoin fhéin. Air dha bhi falbh mar sin, thuit an ròp mu chasan, 'ga 'leagadh. Ghabh an t-each eagal, 's theich e, a slaodadh a ghille as a dheigh, gus an deach e 'n sàs ann am feansa 's 'n do bhris an ròp. 'Nuair a chaidh an t-each air ais dh' ionnsuidh an t-sabhuil, chaidhtear a shireadh a ghille, agus fhuair 'athair e aig an fheansa, 'se a tilgeadh na h-analach. Bha a cheann us 'aodann air an gearradh 's air am prannadh air dòigh eagallach. Tha an sgiorradh cianail an deigh mulad mor a chur air na coimhearsnaich uile, agus tha co-fhaireachdain aca ri pàrantan a ghille bhochd air an d' thainig crìoch cho ealamh, agus cho beag dùil ris.

Tha Morair Salisbury, priomhair Bhreatuinn, gu tinn o chionn ghoirid, cho tinn 's gu 'm b' fheudar dha obair na dreuchd a leigeadh uaithe car tacain, agus a dhol air chuairt feuch am faigheadh e a shlàinte. Bha 'san aimn gu robh e dol as an dreuchd gu buileach, ach cha 'n eil sin ceart. Tha e a nise 'dol beagan am feobhas, ach theid treis a dh' ùine seachad mu 'm bi e cho math 'sa bha e.

Thainig sgeul toiseach na seachdain so ag innse gu bheil Mr. Gladstone gu tinn agus a dol air ais gu mor. Cha 'n eil dùil sam bith ri e bhi beò ach ùine gle ghoirid. Dh' innis na lighichean dha an la roimhe nach robh dòchas sam bith aca d'a thaobh, agus bha e làn riarichte. Tha e anabarrach toilichte 'na inntinn, agus 'nuair a bhios cràdh mor air, cha toir ni faoth'chadh dha ach a bhi 'g éisdeachd ciùil.

Thachair droch sgiorrachd ann an Tyndale, N. S. mu sheachd mìle o bhaile Amherst, leis 'n do chaill duine d'am b' ainm Eideard Cormier a bheatha. Bha e 'g obair air gearradh connaidh anns a' choille, agus gille òg, mac a bhriathar còmhla ris. Bha gunna aige agus leig e an taic craoibhe e am feadh 'sa bha e 'g obair. 'Nuair a thainig e faisg air a chraoibh le 'obair, rug e air barailte a ghunna gus a chur an àite eile agus air dha bhi 'ga tharruinn g'a ionnsuidh mar sin d' fhalbh an urchair, a dol troimh chridhe 's ga mharbhadh air ball.

Chaidh lagh a dheanamh le pàrlamaid Nobha Scotia aig an t-suidhe mu dheireadh, leis nach fhaod neach sam bith a chuireas 'ainm ri paipear ag iarraidh cead a thoirt do dhuine deoch làidir a chreic, a bhi 'na chomhairleach ann am baile no ann an siorrachd. Tha an lagh sin a' tigh'nn gle chruaidh air muinntir siorrachd Halifax; bha moran dhiubhsan a bha 'cur rompa ruith air an fhoghar 'sa tighinn an deigh an ainmean a chur ri paipearan dhe 'n t-seòrsa sin mu 'n robh an lagh air a dheanamh, agus tha iad a nise air an dùnadh a mach.

Tha sgeul uamhasach air tighinn á Newfoundland. Thainig an soitheach-smuide <eng>"Greenland,"<gai> a stigh do acarsaid <eng>Bay de Verds,<gai> 'sa mhaduinn Di-satharna s'a chaidh, agus sia cuirp air fhichead air bòrd aice, air an reothadh gu bàs, agus leth-cheud duine s'a còig eile air an reothadh gu dona. Dh' fhalbh an soitheach á <eng>St. John's<gai> toiseach a mhios le trì cheud duine a dol a mharbhadh ròn. Chaidh gach ni gu math leotha, agus mharbh iad àireamh mhath. Di-màirt air an t-seachdain s'a chaidh, chaidh na daoine mach air an deigh mar a' b' àbhaist dhaibh; cha d' thug iad leotha ach fìor bheagan aodaich, oir is obair gle bhlàth marbhadh nan ròn. An deigh dhaibh a dhol astar math o'n t-soitheach, dh' éirich an soirbheas, agus chaidh a chuid mhor dhiabh a ghiùlan air falbh air an deigh. Cha d' fhuair iad a dhol g' an cuideachadh gu maduinn Di-ciaduin, agus an uair sin fhuair iad gu robh sia duine fichead air an reothadh gu bàs, còrr us leth-cheud air an reothadh 's ann an cràdh mor, agus bha trì duine fichead air nach d' fhuair iad sgeul idir, agus a tha, a reir coltais, air an call. Bidh iomadh ànradh agus cunnart air am fulang le iasgairean gach bliadhna. 'Se so call a's motha agus a's cianaile a rinneadh riamh ann an Newfoundland. Bha a chuid mhor dhiubhsan a chailleadh pòsda, agus dh' fhag iad teaghlachan laga 'nan deigh.

BAS.

Aig Eilean <eng>Christmas,<gai> air a 24mh latha de'n mhios, Calum Dùghlach, 86 bliadhna dh'aois. Bha e ri ceannachd o chionn leth-cheud bliadhna air ais, agus bha e 'na dhuine gle mheasail. Is mac dha Eachunn F. Dùghlach, a tha 'na fhear-pàrlamaid do'n t-siorrachd so. Bha e air a thiodhlacadh 'sa mhaduinn Di-donaich. Bha an t-Easbuig Camaran agus àireamh shagart a lathair, agus leam àireamh mhor sluaigh an giùlan dh'ionnsuidh an àit-adhlacaidh.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & CO.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleir- gle
thoileach a shealltuinn.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaig air laimh. Ma tha thu air son
Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h Aodaichean a th' aige
math 's bidh, iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na abhraichean so leis a phosta air son a
phris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

[TD 318]

[Vol. 6. No. 40. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 315.)

agus na caisteil, na h-eaglaisean agus na sgìreachdan, na h-oighreachdan baranach agus na Siorramachdan-ainmean a chuireas an ceill gu snasmhor gne cruthachaidh na dùthcha agus cumadh na tire, ainm cinnfheadhna, no sagairt no leughadair an àite, no an ni is cudthromaiche mu a dheibhinn. Is neo-thuigsinneach agus duilibh ri ràdh na h-ainmean so, dhaibhsan nach tuig cainnt na dùthcha.

Agus air chinnt, b' fheairrd iad fios orra. Bhitheadh e 'na dhealbh, 'na eachdraidh agus 'na ursgeul daibh, 'na chompanach laimh riutha troimh an dùthaich agus a' cuideachadh le an conaltradh. Innsidh Midhe a còmhnardachd, Clonmel toireachs a bhealaich, is e Fermanagh dùthaich nan loch, is e Tyrone, tir Eoghain, is ionann. Kilkenny agus Cille Naoimh Choinnich; Dunmore, is e sin an dèidean àrd; Athenry, is e sin Ath-an-Rìgh; agus Dunleary, is e Daingneach O' Leary a tha ann. Is e "fionn-uisge" is mathair do'n chaigionn-fhocal <eng>"Phoenix Park,"<gai> agus chithear an t-uisge fathast stealladh gu h-aotrom as, fagus do chachlaidh an ear am Baile-atha-Cliath.

Is Gaidhealach iad, ainmean ar fonn agus ar n-òran uile, ach tha an seadh agus am brìgh a' dol air iomrall oirnn gu tric, coltach ris an duine air an do iarradh am fonn ris an abrar, "Ta mi in mo chodladh 'na duisigh me;" ach thug esan atharrachadh ainme air, (agus bu bheag a b' fheairrd am fonn bòidheach sin idir a leithid a dh' ainm) <eng>"Tommy MacCullagh made boots for me."<gai>

Is ann an Gaidhlig a tha 'chuid is mo d'ar n-eachdraidh sgrìobhta; agus an e gu'm bi sinne, comasach mar a tha sinn air Dante, Livy agus Homer a' leughadh 'nan cainnt fein, an e gu'm bi sinne riarraichte toileach, agus sinn gun eolas againn air a' Ghaidhlig gun chomas againn air ar cainnt mhàtharail a' thuigsinn?

Tha e fìor gu'm bheil ainmean ealdhain Gaidhealach a dh' easbhuidh oirnn, agus gun teagamh is còir na h-ainmean gnàthach àbhaisteach a' ghlacadh do an n-uchd. Rinn na Gearmailtich an ni ceudna, ach chan abrar iomadh-alach ris a' chainnt Ghearmailtich d'a thaobh sin. Tha a chuid is mo de na h-ainmean so ana-cuimseach, luidseach, cearbach, no-lamhchair; is i a' Ghreugais no an Laidionn is bun do na h-uile fear diubh nach mor, agus tha coltas cho neonach coimheach orra anns a Bheurla agus anns an Fhrangais agus a bhitheadh orra anns a' Ghaidhlig. Aon uair agus gu'n d' aidicheadh gu'n robh a' Ghaidhlig na cainnt fhreagarrach air foghlum, agus airidh air a' chùram is àirde, rachadh ar foclairean a' mheudachadh, agus mearachadh ar sreathan.

Cha'n eil anns na tagraidhean so ach leth-sgeulan innleachdachda gu cuir an aghaidh na Gaidhlig, ach cha'n eil iad air an toirt air an aghaidh, mar is bitheanta, gus am bheil am bacadh is mo air a chuir

as an rathad.

Is e so am bacadh gnàthaichte an aghaidh ath-bheothachadh na Gailig, nach tigeadh oidhirp sam bith gu feum.

Nan toireadh oidhirp sam bith air Gaidhlig a thoirt a steach air taobh an ear na h-Eire, an dara cuid troimh na sgoilean dùthchasach no anns na cùirtean lagha, dh' fhàilneachadh e gun teagamh, agus mhùchadh ma dh' fhaoidte buil a' mhi-aigh so agus an calldach a' Ghaidhlig gu buileach as. Ach cha'n eil so am beachd duine sam bith, ach mar bhruadar air na bhitheas ceud bliadhna o an latha an diugh. Agus chan ionnan so agus an rud a their sinn, eadhon, gur coir do'n Ghaidhlig a' bhith air a h-altrum, air a teagasg agus air a meas, agus gur urrainn duinn a gleidheadh agus a meudachadh uidh air n-uidh.

Is e tha bhuainn, a' chànainn a chuireas an ceill brigh feart agus seadh, ainmean ar laoich, ar n-aitean, ar sean eachdraidh agus ar ceòl, agus a tha air a labhairt anns a' mhor-chuid de ar siorramachdan, a' chànainn sin a bhith air a munadh do chlann ar n-uaislean, seach Eadailteach, Greugais no Fraingis. Bhitheadh i ni's feumaile do fhaireachdainnean agus do aomadh-inntinn ar n-oigridh, agus ni's tairbhiche 'nan caithe-beatha, agus bhitheadh comas labhairt, seinn no sgrìobhaidh anns a' chainnt Eirionnaich 'na mhaise ni's fhusa laimhseachadh, agus ni's iomchuidh do Ghaidheal no do Bhana-Ghaidheal na bhitheadh na comas an ceudna dhaibh anns a chainnt Fhrangaich no cainnt sam bith eile.

An drasd is comharra air graisge e leis na h-uaislean a' chainnt Eirionnach a' labhairt-is i Beurla tha aca 'ga labhairt, agus is i 'na h-aonar a tha ga munadh anns na sgoilean-agus mar is miosa gu mor, tha e air a thoirt agus air a sparradh air a chloinn le duaisean agus peanasan, gun i 'labhairt aig an tigh, oir is i cainnt am maighistirean agus cainnt chreachadairean Eire i. A nis, ar leinn, gu'm bu leor e airson a' chùis a' thoirt gu buil, nan tugadh uaislean Eire ionnsuidh laidir agus dian oidhirp air atharrachadh seol agus suidheachadh is fearr a' chuir air chois an Eirinn; tha e mar fhiachaibh oirnn dìreach a' thaobh deagh oilean. Agus tha sinn ag aslachadh air ard-aighe, air gràdh-dùthcha agus air cridheachan ar tuathanachais agus ar luchd-ceannaich, gun feuchainn ri cainnt dhùthchasaich gach fir ainmeil nach-mor bha riamh againn, a' dhubhadh as gu brath o anmannan na cloinne aca. An dean sinn suaip dhiblidh thàireil le cainnt Bhriain Bhoraimhe agus O' Chonnail, air am bheil na chuic, ha bailtean agus na h-orain air an sloinneadh air teanga luchd-fòirneart Eire?

Tha Gaidhlig air a labhairt le mu thaiream leth an t-sluaigh aig am bheil comhnuidh air taobh an iar sreath sinthe o Dhoire gu Port-lairge, agus tha i coitchionn fathast taobh an ear an t-sreath sin. Nan toireadh air na maighistirean-sgoile a' bhith mion-eolach air a' Ghaidhlig far an aitich luchd-na-Gaidhlig, agus nan tugadh dhaibh leabhraichean-sgoile Gaidhlig, bu leòr sin gus a' chanain a' dhion far am bheil i fathasd beo, agus bhacadh sin muchadh na Gaidhlig leis a' Baeurla, mar a rinneadh air na daoine ruadha le sliochd nan

Sasunnach o Nuadh Eabhrac gu Nuadh Orleans.

Ach is e steidhicheadh paipear-naigheachd, a leth no a h-iomlan anns a' Ghaidhlig, an doigh is fearr gu cuideachadh leis an teanga. Gheibheamaid 'nar cainnt fein sgeul air cuilbheartan riaghlaidh agus naigheachdan eile a dh' fheumas sinn sireadh an diugh anns a' Bheurla; is tric a bhitheadh Gaidhlig air beulthaobh luchd-labhairt Beurla. 'gan talach agus 'gam brosnuchadh gus a litrichean a dh' ionnsachdainn agus an uine ghoirid a brigh.

Is ann an gach cearna an t-saoghail, ach a' mhain an so, a tha paipearan iom-chainnteach ri am faotainn. Ann an Taobh a Deas <eng>America<gai> gheibhear Spainnteach agus Beurla no Fraingis ann an iomadh aon diubh; gheibhear Fraingis agus Beurla ann an Taobh Tuath <eng>America<gai>; Gearmailteach agus Eadailteach ann an taobh tuath na h-Eadailt; Gearmailteach a' bharrachd air an teanga duthchais ann an Lochlainn agus an Tir-fa-thuinn <eng>(Holland):<gai> Frangais agus Gearmailteach ann an Switzerland; Gearmailteach, Fraingis agus Sclavonach ann am <eng>Poland<gai>; Fraingis agus Turcach anns an Tuirc; Magyar, Sclavonach agus Gearmailteach ann an Hungary; agus tha tri cainntean anns a' chanton bheag sin, Grison. Gun ghuth a' thoirt air Hungary tha an dara cainnt anns gach aite air a labhairt le àireamh sluaigh is lugha na luchd-labhairt Gaidhlig an Eirinn; agus ged a ghiùlaineas an slugh anns gach aite leis an aon chainnt mar mheadhon air comh-mhalairt, altrumaichidh iad an te eile mar thaiag-lann eachdraidh, mar sgiathan bardachd, mar mhathair an tograidhean agus mar chomharra didean an dùthchasachd.

Comhradh nan Gaidheal.

COMHRADH EADAR TEARLACH OG AS AN EILEAN SGIATHANACH, CALUM MAC FHIONNLAIDH A MHUILE, AGUS DUGHALL MAC GRIOGAIR A PEAIRT.

(Air a leantuinn.)

CALUM.—'De so tha mi cluinntinn a Thearlaich gum bheil againn ri fuireach an so gus nach eil fhios cuin, tha mi seachd searbh dhe 'n àite agus na 'm bithinn leam fhéin cha 'n eil fhios ciamar a dheireadh dhomh. Am bheil aig Dùghall ri fuireach cuideachd?

TEARLACH.—Is e do roghainn fuireach no falbh a Chalum, ach bho 'n tha mi fhéin is Dùghall leat tha mi 'n dòchas gu 'm fuirich thu.

DUGHALL.—Tha fhios gle mhaith gum fuirich e, feumas e.—Nach eil Sgeul nam Fògarach agad ri aithris dhuinn fhathasd?

C.—Na abair tuille, ach las do phiob 's dean suidhe 's eisd ri Tearlach, siuthad a

Thearlaich ciod e 'n ràn uamhasach a bha sud a chuala sibh?

T.—Bha sinn dhe 'n bheachd aig an àm gum b'è an ràn a chuala sinn ràn cho oillteil 'sa b' urrainn a bhith, agus chuir e a chuid a's mò na 'r measg, lag, trom mar bha sinn, air ar casan, cha b' ann gun chunnart 'bhi mach air a mhuir, 'us sheall sinn a mach gu geur an rathad bha 'n fhuaim, ach bha a rithisd sàmhchair ann. "Deanamaid glaodh," ars am <eng>"mate,"<gai> agus le sin dh' eigh e mach, <eng>"Ship ahoy."<gai> 'S gann a bha na facail as a bheil 'nuair bha 'n sgal air aithris, agus leam Domhnull beag gu chasan a nis, ag radh, "'S e Bran a th' ann, 's e Bran a th' ann;" b'è sin abhag Sgiathanach 'bhuineadh do 'n sgiobair; dh' eibh Domhnull air a dha no tri uairean 's cha b' fhada gus an cuala sinn e 'plubartaich, a' sgiamhail, 's a comhartaich faisg oirnn, chuir mise mach mo lamh, 's air fhaicinn domh rug mi air a' bheathach bhochd 's e 'n impis toirt thairis, oir bha e air a t-snàmh fad an uine tha mi a' smuaineachadh o na thachair mar dh' eirich dhuinn agus maith dh' fhaoidte faisg oirnn, sin agad Sgiathanach dhuibh fhearaibh. Bha 'n creutair bochd air meileachadh leis an fhuachd 's am bogadh, ach thiormaich 's shuath sinn e gu curamach, agus an deigh criomag bhreacaig, 'us drughag, fìor dhrughag, uisge, thainig e thuige. Bha 'n latha nis air soillearachadh 'us thubhairt Mac-a-Ghobha gum feumadhaid ar cead a ghabhail leis an sgiobair, bho nach robh feum no maith sam bith an corp a ghleidheadh, sinn cho fada bho thir no o luingeas sam bith a reir a h-uile coslas, agus le sin dh' iarr e air na fir eile iad a spionadh dhe na sparran na b' urrainn daibh 'dh' iarunn, agus ormsa e 'chuideachadh gus an corp a dheasachadh—O Rìgh! b'è sin an obair mhuladach, ach air na h-uile ni bhi ullamh, réidh, labhair no dh' aithris am <eng>"mate"<gai> ceathramh no dha de shalm agus chuir e suas ùrnuigh ghoirid shimplidh ann am Beurla, tha mi cinnteach gun tuig sibh fhearaibh gun do luidh na facail 'sa chainnt sin, mas a cainnt i, fuar, fuar air m' inntinnsa, agus ma 's do thair dhaibh an déile bha fodha 'thoirt air falbh, gus an corp a leigeil a mach air a mhuir, arsa mise, "dhaoine 'se m' fhear-dùthcha fhéin tha 'n so, an Gaidheal Albannach, mar is aithne dhuibh tha mi 'n duil, leigibh leam facal no dha a radh ann an ùrnuigh 's a chainnt againn fhein ma 's dealaich sinn. Le sin chrom iad an cinn, 's gun ach Domhnull beag ga m' thuigsinn, agus ma dh' fhaoidte an abhag bhochd, rinn mi mo chridh' a bhrùchdadh a mach cho durachdach 's a rachadh agam air, 'us cach, feumaidh mi aideachadh, gu sàmhach, modhail, ged nach robh iad ach Gallda no nan Sasunnaich aineolach, mi-bheusach; air dhomh bhi deas thogadh an deile agus a sios ann an doimhneachd mhor a' chuain á fradharc, gu grad chaidh corp an sgiobair bhochd—bochd ni theiream; cha robh duine 'n sin nach bu mhaith leis gum b'è fhein a bh' ann, oir a reir a h-uile coslais cha robh romhainn ach bàs cianail. Air a ghnòthuch mhuladach so a bhi seachad, thubhairt Mac-a-Ghobha gun robh e mar fhiachaibh oirnn cuir romhainn gum faodamaid bhi fada, fada gun tachairt ri long, agus air a chor sin am beagan bidh 'us deoch 'bh' againn a shioladh a mach thun an ire 's fhaide a rachadh e, agus, mar bha esan ga mheas, se aon bhreacag-chruinneachd 's an latha, air a roinn na da leth, airson a mhaduinn 's an fheasgar, agus balgam beag uisge, na b' urrainn duinn fhaotainn,

gach fear againn, “agus Bran,” arra Domhnull beag; “O,” ars am
<eng>“mate,”<gai> “Feumaidh ’h-uile fear criomag thoirt do Bhran,
faodaidh e bhi gle fheumail dhuinn fhathasd.” Is maith thuig mi
fhein ciamar, ach cha d’ thubhairt mi diog, ni araid ’chuir sgean
orm gu goirid an deigh so, feumaidh mi innseadh dhuibh, agus b’e sin
so: Chuala sibh iomradh, tha mi cìnnteach, air iasgan mora ris an
abrar anns Bheurla <eng>“sharks,”<gai> cha ’n aithne dhomh Gàidhlig
orra-iasgan craosgach, fuilteach, air dath ’s air cumadh nam
biorach, agus na ’m bharaills’ cha ’n eil annta ach bioraich mhora
dhe ’m bheil a liuthad sheòrsa “Gobagan,” their cuid riutha, ’chionn
an gob fada ’th’ orra; “mudagan,” ’chionn iad ’bhi mudach, gnathad;
“dallagan,” ’chionn an suilean a bhi leth duinte, ’s mar sin sios.
Mata, goirid an deigh dhuinn corp an sgiobair ’chuir fodha, chuala
mi fear dhe na lamhan ag radh, “Ann an ainm an Tighearna ciod e tha
sin?” ’S ’nuair a sheall sinn ’n rathad bha e coimhead, ciod e bha
sin ach an corp air fleodradh bhàrr an t-saile, agus mur gum b’ ann
’na sheasamh ’s a cur charan dheth, a’ dol fodha ’s a leum an
uachdar a rithisd ’s a rithisd air mhodh bha araon iongantach agus
uamhasach; cha b’ fhada gus an d’ rinn sinn a mach de a b’ aobhar
dha so. “Is e na bioraich tha ris,” ars aon seann mharaiche, “shrac
iad a bhrat; chaidh pairt dhe na chudthromachadh gu grund, agus tha
’n corr a’ cumail a chuirp na sheasamh ’san uisge mar tha sibh a’
faicinn, chunnaic mi ’leithid roimhe, ach cha ’n fhada mhaireas e,
gheibh na beathaichean grannd’ aige gu goirid;” agus mar thubhairt
b’ fhior, oir ann an tiota beag leum biorach mor, glas, ghorm,
leathach as an uisge, agus air beirsinn air a chorp, sios fodh ’n
uisge, shlaodadh leis e agus cha ’n fhaca sinn tuilleadh e.

(Ri leantuinn.)

O CHIONN còrr us bliadhna, sgrìobh an t-Urr T. Watson, á
<eng>Coburn, Ont.,<gai> mar a leanas:—“Tha K. D. C. an deigh
atharrachadh mor a thoirt orm, aon uair ’s gu ’n do thoisich mi air
a ghabhail. Tha tinneas mo stamaig air falbh gu buileach, agus tha
mi na ’s slàine na bha mi o chionn bhliadhnaichean. Tha mi creidsinn
gu bheil e cheart cho math ’sa tha iadsan a tha ’ga dheanamh ag
radh.

(Aug. 14, 1896) sgrìobh e rithist:—“Tha mi toilichte innse gu bheil
an leigheas a rinn K. D. C. orm buan.”

K. D. C. Bu choir e bhi anns a h-uile dachaidh, on tha e math air
gach eucail bheag us mhor a tha buailteach do ’n stamaig, a
leigheas.

Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air son tinneasan-cuim.
Ma ghabhair iad comhla ri K. D. C. leighsidh iad teanntachd.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c.&c.
SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBASA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 320]

[Vol. 6. No. 40. p. 8]

An Gaidheal Uasal.

DUANAG DO 'N URR. ANNDRA MAC-GILLEGHRATH.

LUIÑNEAG.

'S toil leam fhin an Gaidheal uasal
Nach cuir suarach cainnt a shinnsre;
'S toil leam fhìn an Gaidheal uasal.

Fhuaradh litir ghrinn an dé leam,

A dhùisg eibhneas suas am inntinn,

Air a sgrìobhadh sìos gu soilleir,
Is coig dollair mar cheann-crich' oirr'.

A chraobh-sgaoileadh cliu nan Gaidheal
Anns na dànaibh blasda, brioghmhor,

Bhiodht' a seinn an tìr nam fraoch-bheann,
Tìr nan laoch nach coisneadh dimeas;

Tìr nam ban 'bha caoimhneil, stòlda,
Tìr nan òighean stuama, sìobhalt';

Tìr nam filidh b' àirde buadhan,
Tìr an t-sluaigh sin bho 'n do chinn sinn.

Fhuair mi sud bho shàr dhuin'-usal,
D' am bu dual bhith daimheil, dileas;

Fear nach d' thug a chridh' do 'n t-saoghal
No do dh' fhaoineasan gun bhrìgh annt'.

Fear a chleachd bhith aoibheil, fialaidh;
Chiteadh riamh a làimh ga 'sineadh.

Fear de shliochd nam Bràthach greannmhor
A bha 'n Innse-Gall nam birlinn.

Thainig e bho 'n churanta chalm' ud,
Ris an earbt' an àm na strithe,-

Anndra Mor nam Madadh-alluidh,
Sealgair barraichte 's na frithean.

'S iomad fiadh thug e bho 'n aonach,
'S iomad faol-chu chaidh gu dith leis.

Thainig e bho 'n chonnapunn dhearbht' ud,
Mu bheil eachdraidh Alba 'g innse,-

Lachainn Mor 'bha 'n Dubhairt mhùirneach
Nam fear sùndach, seasmhach, rioghail.

Thainig e bho 'n churaidh ghasd' ud,
'Chumadh smachd air luchd a mhioruin,-

Eoghan Dubh, an sàr cheann-armailt',
Triath Chlann-Chamshroin nan lann liomhte.

Guidheam buaidh le fear na bàighe
Fhad 's a dh' fhàgar e 'san tìr so;

'S aingil De a bhith mu 'chluasaig

'Nuair thig gairm a nuas bho 'Rìgh air.

GLEANN-A-BHAIRD.

An 10mh la de 'n Mhàrt, 1898.

Tha Mo Run air a Ghille.

Do Dhomhnull Donn, mac fhir Bhothiuntinn, le nighean Tighearna
Ghrannnd. Bha duil aig' i so a phosadh, mar bhi gu 'n deachaidh e
fein 's a h-athair a mach air a cheile.

Tha mo rùn air a ghille,
'S mor mo dhuil ri thu thilleadh,
'S mi gu siubhladh leat am firach
Fo shileadh nam fuar-bheann.

Tha thu 'd mhac do dh' fhear Bhothiuntinn,
'S mise nighean Tighearna Ghrannnda,
'S rachainn leat a null do 'n Fhraing
Ged bhiodh mo chairdean gruamach.
Tha mo rùn air a ghille, &c.

Gur h-e m' athair rinn an do-bheart,
Mise chumail gu 'n do phòsadh,
Shiubhlainn leat ged b' ann da 'n Olaind
Ach do choir a bhuannachd.

Nall a's e mo cheist a fiuran,
Domhnull Donn mac fhir Bhothiuntinn,
Fada us farsuinn a tha cliu
Air murnan na 'm ban uaisle.

Nail a's e mo ghaol an t-oig-fhear
Domhnull Donn an leadain bhoidhaich;
Tha thu 'n fhior-fhuil aid gun fhotus,
Domhnullaich a chruadail.

'S iomad nighnag a tha 'n toir ort,
Eadar Inbhirnis 'us Morair;
Ged a bhiodh air crùn do stòras
Phosainn anns an uair thu.

Tha do phearsa cuimir, dealbhach,
'S math thig eididh dhut 'us armachd;
Bu tu 'n curaidh treun, neo-chearbach,
Meamnach anns an tuasaid.

'S math thig féile dhut 's an fhasan,
Boineid ghorm 'us cota breacain,
Osan gearr 'us tri chuir ghartan,
'S glas-lann air do chruachan.

Cha 'n eil òganach cho ainmeil

Riut s'a chearna so de dh' Albuinn,
'S meirg a dhuisgeadh suas gu fearg thu,
'N àm nan arm a bhualadh.

Mur e so an t-òran a tha dhith air ar caraid, cuireadh e fios
ugainn, agus bheir sinn ionnsuidh eile. Tha sinn fada an comain an
fhir a chuir an t-òran so g' ar n-ionnsuidh; ged a dh' iarr e oirnn
gun ainm a chur ris, faodaidh sinn a radh gu 'n do chuidich e leinn
anns an dòigh cheudna uair no dha roimhe.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an
deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth
air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann
am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor; taghail aige
neo sgrìobh uige.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON.<gai>
Sidni, C. B.

Tha sinn a' cumail acuinn-each, carbadan agus trungaichean.

Tha sinn a cumail an aite so do
<eng>MACDONALD, HANRAHAN & CO.,<gai>
'Nuair a gheibh iad am bathar ur a stigh, bidh tuilleadh aca ri radh
ri 'n cairdean.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,

Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

[TD 321]

[Vol. 6. No. 41. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, <eng>8 APRIL, 1898. No. 41.<gai>

Litir a Alba.

Bodachan a' ghàraidh
Cho friogadach 's cho frogadach,
Bodachan a' ghàraidh
Cho frogadach 's a bha e riamh.

FHIR MO CHRIDHE:—Cha 'n fhàthaidh mi 's cha mhac fàthaidh mi, ach tha mi cinnteach gu 'n abair fear is fear de luchd-leughaidh lionmhor a' MHIC-TALLA an uair a leughas iad an litir so, "Ma tha 'm bodach cho friogadach 's cho frogadach 's a bha e riamh, c' ar son nach 'eil e sgrìobhadh na 's trice na tha e 'deanamh?"

Is iomadh leithsgeul a th' aig an earrach air a bhith fuar, agus is iomadh leithsgeul a th' aig a' bhodach air son nach 'eil e sgrìobhadh. Cha 'n eil mi 'dol a thoirt iomradh air na leithsgeulan. Cha dean e feum dhomh fhin no do neach sam bith eile teannadh ri sgrìobhadh leithsgeulan. Tha daoine gle dheas aig gach àm gu leithsgeulan innseadh; ach mar is trice cha toirear a' bheag de chreideas dhaibh.

Tha ùine mhor o 'n a sgrìobh mi ugad mu dheireadh. Trang 's mar a bha mi o chionn iomadh mìos, dh' fhaodainn ùine fhaotainn gu beagan fhacal a chur ugad; ach bha mi ag ràdh rium fhein gu 'n robh am pailteas de dheagh sgrìobhadairean a' sgrìobhadh ugad o mhios gu mìos. Ged nach deanadh am MAC-TALLA de dh' fheum ach mar a theagaisg 's a bhrosnaich e mòran dhe na Gàidheil—gu sònraichte na Gàidheil a th' ann an <eng>America<gai>—gu sgrìobhadh na Gàilig, tha e airidh air cliù agus air beannachd nan Gàidheil air feadh an t-saoghail mu 'n iath a' ghrian. Ma leanas na Gàidheil chòire so air sgrìobhadh

ugad, nochdaidh iad gu soilleir do shluagh an t-saoghail gu'm bheil iomadh fear ann do 'n aithne cànan mhilis, bhlasda nan Gàidheal a sgrìobhadh 's a leughadh.

Bha mi oidhche o chionn mhios a' leughadh a' MHIC-TALLA, agus mi 'nam shuidhe gu socrach ri taobh an teine 'garadh mo chas. Rinn mi lasgan mòr gàire; agus an uair a chual' a' bhean mi 'gàireachdaich, leig i an stocainn a bha i 'figheadh as a laimh, agus thuirt i, "An ann as do chiall a tha thu, 'dhuine?"

"Cha 'n ann gu dearbh," arsa mise. Cha b' urrainn domh an corr a ràdh rithe leis a' ghàireachdaich.

Ciod a bha mi 'leughadh ach an litir a chuir Seumas Mac Fhionghain ugad á Moosomin. Leugh mi do 'n mhnaoi an litir, agus theab i strachtladh a' ghàireachdaich. Mar a tha fhios agad fhein, bha 'n litir ag innseadh mu 'n chomhradh a bh' eadar seana Ghàidheal còir a th' agaibh faisge air fìor cheann a' tuath <eng>America<gai> agus Andree, am fear a dh' fhalbh an uiridh á rioghachd na Suaine ann am balùn feuch am faiceadh e sealladh air a' mhaide mhòr, àrd, ris an abair na Sasunnaich a' <eng>"North Pole."<gai>

Chuir mi umam mo bhrogan, agus ghrad dh' fhalbh do thaigh Alasdair ghreusaiche, agus am MAC-TALLA agam paisgte gu cùramach 'n am phòcaid. Bha 'n tigh làn de luchd-ceilidh mar is minic a bha e. Am measg na bha staigh bha bodachan beag, briathrach, do 'n ainm Callum òg. Tha Callum a' toirt air fhein a chreidsinn nach 'eil mac màthar eile eadar Taigh Iain Ghrot agus Maol Chinn-tìre a tha cho glic 's cho gleusda 's cho fiosrach ris fhein. Ach cha 'n e so a' bharail a th' aig daoine eile air Callum idir. Coma co dhiubh, an uair a shuidh mi thug am MAC-TALLA as mo phocaid, agus leugh mi litir Sheumais ann an éisdeachd na bha staigh. Fhad 's a bha mi leughadh na litreach, bha mi 'g amharc le deireadh mo shùl air Callum. Agus ged a bha 'n litir a' toirt sannt gàire orm, cha mhòr nach do bhrìst mo ghàire orm an uair a bha mi 'faicinn mar a bha Callum òg a' fosgladh a bheòil 's a shuilean an uair a bha mi leughadh na litreach.

An uair a chuir mi crìoch air leughadh na litreach, rinn Callum casad, agus chuir e mach smugaid, agus thuirt e, "Cha 'n eil mi creidsinn gu'm bheil facal firinn anns an litir. Is iomadh uair a leugh mise mu na h-ainmhidhean a th' ann an ceann a' tuath an t-saoghail, ach cha chuala mi riamh iomradh air an ainmhidh ris an can an duine Sero."

Bha duine òg, eirmseach anns a' chuideachd, agus chaog mi ris. Thuig e gu'n robh mi 'toirt faireachadh dha gu tarrainn á Callum. Tha 'n duine òg so glé eibhinn, agus an uair a bhios e ag innseadh naigheachd cha tig streamadh gàire air a ghnùis. Thuirt e air a shocair fhein, "A Challum, is iomadh rud a th' air an t-saoghail air nach 'eil fhios agadsa. Tha Sero ann gun teagamh. Agus tha droch anail aige. Tha e mar a's trice 'na chadal fad an t-samhraidh. Ach an uair a dhùisgeas e mu thoiseach a' gheamhraidh, suidhidh e 'na ghurach air mullach a' <eng>North Pole,<gai> agus ge b' e uair a

thionndas e 'aghaidh an taobh so, bidh a' ghaoth a tuath againn; oir is i a' ghaoth a tuath an anail aige. Tha earball air anns am bheil tri cheud troidh a dh' fhad. Aig iomadh àm bidh an caoch dearg air, agus toisichidh e ri sùistreadh an t-sneachda le 'earball. Sin agad an uair a bhios cur is cathadh a' tighinn oirnn o'n aird a tuath. An uair a bha Nansen o chionn dà bhliadhna 'g iarraidh seallaidh air ceann a tuath an t-saoghail, thug Sero an aire dha agus e ceithir fichead mìle mu dheas air, agus ghrad thòisich e ri caitheamh an t-sneachda air le 'earball agus ri seideadh le 'anail mar gu 'm faiceadh tu duine a bhiodh a' dol a chur as taighe bhiodh a' dol 'na theine. Ciod e th' agam air ach gu 'n do theab e Nansen a reothadh leis an fhuachd agus a thachdadh leis an t-sneachda."

"Sguir dhe do chuid ròlaiste," arsa Callum; "tha thu cho fada cearr 'nad bharaill mu 'n ghaoth a tuath ris an fhear a tha ann an America. Is ann a tha 'ghaoth tuath gu leir a' tighinn á toll. B' aithne dhomhsa fear a chunnaic an toll as am bheil a' ghaoth a tuath a' tighinn. Tha 'n toll an aiteiginn faisge air <eng>Hudson's Bay.<gai> Is cinnteach gu 'n cual' thu iomradh air. Thachair gu 'n do bhristeadh long mhòr anns an àite, agus cha robh aig na seòladairean ach dhol air tìr agus feuchainn ri faighinn as an àite mar a b' fhèarr a dh' fhaodadh iad. Coma leat, thug iad leotha eallaich an droma dhe 'n bhìadh a bh' air bòrd, oir cha robh fhios aca c'uin a ruigeadh iad taigh."

Bha iad a' falbh an deigh a chéile, agus an uair a bha iad a' dol seachad air an toll bha fear an deigh fir dhiubh a' reothadh anns a' bhad 's an robh e a cheart cho cruaidh ris an iarunn. An uair a chunnaic mo charaid mar a bha, chuir e dheth a sheacaid agus stob e anns an toll i gus an deachaidh e gu sàbhailte seachad air. An uair a bha mise 'nam bhalach beag, chuala mi e 'g a innseadh so. Tha fhios agam nach innseadh e breug; oir is e duine glé fhirinneach a bh' ann."

Rinn a h-uile fear a bha staigh lasgan mòr gaire an uair a chual' iad naigheachd Challum.

"Fanaibh samhach, a bheadaganan suarach," arsa Callum, "Ciod e am fios a th' agaibhse air gnothaichean an t-saoghail so: daoine nach do chairich á oir na luathadh riamh o'n a rugadh sibh, agus aig nach 'eil eòlas no fiosrachadh na 's mò na th' aig cat-griasaich."

Chaidh sinn uile gu gàireachdaich an uair a chunnaic sinn cho cas agus cho feargach 's a dh' fhàs Callum. An uair a thuig e gu 'n robh sinn uile 'deanamh ceòl-spòrs dhe 'naigheachd, dh' éirich e agus thug e an dorus air; agus shaoileadh tu gu 'n tugadh e leis a' chomhla 's na h-ursannan m'a cheann leis an sitheadh a bha roimhe.

Tha eagal orm gu 'm bheil an litir so tuilleadh is fada; ach ma tha, cha 'n 'eil agad fhein ach an siosar a chur oirre agus dà chruinn leith a dheanamh oirre. Is mi do charaid an là a chi 's nach fhaic,

BODACHAN A' GHARAIDH.

Taobh an Locha, Là Fheill Padraic, 1898.

[TD 322]

[Vol. 6. No. 41. p. 2]

Eachdraidh nan Caimbeulach.

(Air a leantuinn.)

Cha robh GILLEASBUIG, tighearna Lathairn, ach òg 'nuair chuir 'athair anns a bhliadhna 1651, an crùn air ceann rìgh Tearlach II. an Sgoinne, ach bha e aig an àm ud 'na chòirneal air reisimeid a bha 'na freiceadan aig an rìgh. Chog e gu treun air taobh Thearlaich an cath Dhunbar agus aig <eng>Worcester<gai>, far an deach an ruaig orra gu buileach. Gidheadh cho luath 'sa fhuair naimhdean teaghlach Earraghael am Marcus a chur as an rathad, thòisich iad air casaidean a chur a stigh an aghaidh a mhic. Cha do stad iad gus an deach a thoirt gu cùirt agus a ghairm ciontach do fhoill agus binn ditidh a thoirt a mach 'na aghaidh. Ach sheas an rìgh a thaobh aig an àm ud, 's cha 'n fhuilingeadh e a chur gu bàs. Bha so anns a bhliadhna 1662, agus air an ath bhliadhna thug an rìgh dha coir air oighreachd agus tìodal a sheanar. B'e mar sin an naoidheamh Iarla. An deigh so bha gach cuis a dol air aghaidh gu sìochail eadar an t-Iarla agus an rìgh, gus a bhliadhna 1681. Aig an àm sin thainig eas-cordadh eadar Earraghael agus Diuc York, brathair an rìgh, mu chaisean eaglais. Sheas an t-Iarla an aghaidh an Diuc a thoil fhein a bhi aige 'an Alba. 'S e thainig as a sin gu 'n robh e air a chur as leith Earraghael gu 'n robh e neo-dhileas do 'n rìgh agus toillteanach air a bhàs mar neach a bha ciontach do ard fhoill. Ach mu 'n deach a bhinn so a chur an gnìomh fhuair e teicheadh as a phrìosan agus dol do 'n Olaind. Bha e air a dhiteadh air bonn cho faoin 's gu 'n robh cairdean an Diuc, an deigh laimhe, 'cumail a mach nach robh e idir na rùn Earraghael a chur gu bàs—nach robh e ach air son droch eagal a chur air. Cha 'n eil fios co-dhiu bha sin fìor no nach robh. Ach co-dhiu 'nuair thainig an Diuc thun na rìgh—chathrach an deigh bàs a bhrathar anns a bhliadhna 1685, rinn Earraghael agus Diuc Mhonmouth, mac mi-laghail le Tearlach II., suas eatorra fhein gun tugadh iad ionnsuidh air a chrùn a thoirt bhar ceann Sheumais II. agus a chur air ceann Mhonmouth, 'thaobh 's gu 'm b'e mac an rìgh, ged a bha e diolain. 'S ann mar sin a bha. Sheol Monmouth do Shasuinn gu dhol a measg—a chairdean 's a luchd-eolais, a bha gle mheasail air; agus sheol Earraghael do 'n Ghaidhealtachd. Thainig e air tìr a measg a chinne fhein, agus air ball chuir e mach an crann-tàra a ghairm nan Caimbeulach da ionnsuidh gu cogadh fo bhrataich. Chruinnich mu thimchioll air ochd ceud deug fear-cogaidh da ionnsuidh; ach cha robh sud ach beagan de 'n àireamh ris an robh duil aige. Nan robh a chinneadh fhein air tionndadh a mach uile air a thaobh bhiodh ceithir no coig mìle saighdear fo chomanda. Ach cha b' ann mar sin a bha. Dhiult a chuid mhor dhiu eirigh air taobh Mhonmouth. Cha robh mor eolas ac' air, no 's maith dh' fhaoidte, mor earbs' ann; ann an aon fhacal chaidh a chuis gu h-iomlan nan aghaidh. Cha do chruinnich na Sasunnaich gu suaicheantas Mhonmouth mar a shaoil leis, no na h-Albannaich gu bratach Earraghaeil. Chaidh Monmouth a chur gu bàs an

Sasunn. Bha Earraghael greis fo 'n choill 's e feuchainn ri tarsuinn as 'us tilleadh do 'n Olaind, a rinn e fhagail gu tighinn air an turus mhi-fhortanach ud. Ach chaidh a ghlacadh aig àth aimhne beagan a tuath air Cluaidh. 'S e fear Riddel a bha air ceann na buidhne leis an robh e air a ghlacadh. Bha 'n t-ainm Riddel cho fuathach leis na Caimbeulaich 's nach robh e sabhailte do neach de 'n ainm ud a ghnuis a nochdadh an Earraghael fad corr 'us ceud bliadhna an deigh sud. Thugadh an t-Iarla do Dhun-eidin na phriosanach, agus, mar thamailt dha, thug iad air imeachd suas an t-Straid Ard, eadar Holyrood agus an Caisteal, cas-ruisgt' agus ceann-ruisgt'. Cha robh dol as dha ann a nis o'n bhàs. Bha e air a dhith-cheannadh aig Crois-a-mhargaidh, air an deicheamh la fichead de 'n Og-mhios, 1685, ceithir bliadhna fichead an deigh 'athair a bhi air a chur gu bàs air an doigh cheudna. Bha e posda da uair: an toiseach ri Màiri Stiùbhart, nighean Iarla Muraigh, bho 'n robh teaghlach aige, Gilleasbuig, Tighearna Lathairn, Iain, Tearlach, Seumas agus dithis nighean. Bha e posda rithist ri Anna, nighean Iarla Seaforth. Dh' fhuiling na Caimbeulaich eiginn nach bu bheag ann an coth-cheangal ri aramach an ceann-cinnidh. Thainig Iain Muraigh, Marcus Athol, le sgaoth dha luchd-leanmhuinn fhéin a stigh do dhùthaich nan Caimbeulach, a murt 's a marbhadh mar bha iad a dol air aghaidh. Fad deich mìle fichead air gach taobh do Inbher-aoraidh bha 'n tir na fasaich, daoine air an cur gu bàs, tighean air an losgadh, agus moran do dhaoine 's do mhnathan air am beubanachadh 's air a fuadach as an tir. Bha corr 'us tri cheud Caimbeulach air an cur nam braighdean thar a chuain, am measg an robh aireamh de mhnathan. 'S math gu 'n deach na h-amannan garbha so seachad.

(Ri leantuinn.)

<eng>AFRICA.<gai>

Rinn mi cheana iomradh air Gladstone 's air gach buaidh iongantach a bhuineas da. Bha e riamh deas-bhriathrach 'us ùr-labhrach. Tha e 'nis 'n a fhior shean duine, 's tha e airidh air meas 'us onoir mhor, oir bha e daonnan glan 'us geamhnuidh 'n a chaithe-beatha 's 'n a ghiulan. Bha e, mo thruaighe! 'nuair a bha ughdarras aige, fiamhach, mairnealach anns na cuisean a bha eadar Breatunn 'us rioghachdan eile 'n t-saoghail. Chaochail o chionn leth-bhliadhna ann an Sasunn, ministear crabhach, foghlumte 'bha gle chosmhuil ri Gladstone 'na a chruth 'us 'n a dhealbh. Gu minic 'bha coigrich a' saoil sinn gur e Gladstone 'bha ann, an uair a chitheadh iad am minister so. Aig àm sonruichte, bha daoine uasail a lathair agus 'n am beachd is e Gladstone 'bha dluth orra. Dh' fhoighnich fear eiginn deth, "Am bheil an t-urram sonruichte againn a bhi 'nis a' seasamh ann an lathair Ghladstone?" Cha robh ach meas suarach aig a' mhinistear air Gladstone, agus air an aobhar sud, fhreagair e, "Nar leigeadh Dia!" "Tha mi 'g iarraidh maitheanas," arsa 'n duine uasal a chuir a' cheist ris. "Is e mo bheachd," arsa 'm ministear, "gur coir duit da rìreadh, mo mhaitheanas iarraidh." Tha e soilleir gu leoir nach robh am ministear duineil so, fuasach measail air an doigh anns an robh Gladstone 'riaghladh rioghachd Bhreatuinn. Thainig atharrachadh mor agus feumail air beachdan 'us comhludard

nan daoine 'tha bho àm gu h-àm a' riaghladh cuisean cudthromach, 'us duilich 'us priseil Bhreatuinn. Tha iad uile 'nis a' faicinn agus a' creidsinn, gu feum iad na reachdan ceudna 's comhairle shuidhichte 's comh-ionnan, altrum agus a nochdadh 's a chumail suas, anns gach cuis 'us gnìomh, anns gach malairt 'us riaghladh a bhuineas doibh agus a dh' fheumas iad a ghleidheadh air an aghaidh ann an <eng>Africa<gai>, ann an <eng>Asia<gai> 's anns gach cearna de 'n t-saoghal far am bheil inbhe no ughdarras no gnothuch air bith aca. Chi gach neach againn gle fhurasda gu feum Breatunn a bhi duineil, treubhach, neo-sgathach, anns gach cearna de 'n t-saoghal, anns gach coir 'us ceartas a dhion, agus a chumail suas gu caoimhneil, dìreach, gaisgeil. Ma leanas i comhairle fhaoin, lag, ghealtach, na biodh ioghnadh idir oirre ged gheibh rioghachdan eile lamh an uachdair oirre. Am feadh a tha 'n saoghal ann an staid mhuladach, luasganach, agus a tha cogadh ullamh gu bristeadh a mach ann an <eng>Asia,<gai>ann an <eng>Africa<gai>, 's ann an <eng>America<gai>, tha e taitneach gu bheil na daoine onorach, comasach, foghlumte, cumhachdach a tha 'gabhail orra fein rioghachd farsuing, beartach Bhreatunn a' riaghladh agus a mheudachadh, de 'n aon inntinn agus bharrail, mu dheibhinn an doigh dhuineil, chalma, neartmhor anns am feum Breatunn i fein a dhion gun eagal, gun eisimeil. Tha MAC-TALLA 's a chairdean lionmhor gle eolach air an Transbhaal, far am bheil Cruger 'us na Duitsich-na Boerich-a' gabhail comhnuidh. Bha iad a' tabhairt moran trioblaid do Bhreatunn aig aon àm, agus chaidh feachd a mach airson an cur sìos agus smachd dìongmhalta a chur orra. Fhuair iad buaidh air na Breatunnaich aig Cnoc Mhaiuba, agus an aite cothrom a thoirt do na saighdearan dearga an ainm 's an onoir a dhion 's a cheartachadh a rithist, chaidh an gairm air an ais; agus gus an latha 'n diugh tha na Boerich uaibhreach do bhuigh gu do bhuidhich iad ann an aona bhlar an aghaidh feachd Bhreatuinn. Tha 'n Transbhaal a' seasamh ann an slighe gach maith, 'us saorsa, 's aghartachd a tha Breatunn a' deanamh ann

[TD 323]

[Vol. 6. No. 41. p. 3]

an airde deas <eng>Africa<gai>. Tha clachan anabarrach luachmhor-an daoimein dealrach, maille ri clachan boillsgeach eile-air am faotainn anns an Transbhaal. On tha Cruger agus na Boerich a' deanamh spairn chruaidh airson gach ughdarras 'us saorsa 'ghleidheadh 'n an lamhan fein, cha 'n eil toileachas ro-mhor am measg an t-sluaigh a's modha beartas anns an dùthaich so. Tha duine tapaidh, foirmeil, mearganta, d' an ainm Rhodes, ann an ceann mu dheas <eng>Africa<gai>. Is e mac ministear de 'n eaglais Shasunnach a tha ann. Chaidh e a mach gu h-<eng>Africa<gai> mu dheas am feadh a bha e gle òg. Thoisich e le dealas comharraichte, agus shoirbhich leis gu pailt; oir fhuair e, ann an uine ghearr, cumhachd 'us beartas. Tha e fìor-dhìleas do Bhreatunn, agus is e iarrtus a chridhe gu bi fa-dheoidh, ainm 'us cumhachd Bhreatuinn a mhain, mor 'us suidhichte, bho Ros an Deadh-dhochais gus na lochan as am bheil an Nile 'g eiridh, agus mar so gu taobh mu thuath na h-Eiphit. Rinn e fein agus Mac Sheumais, agus feadhainn eile, mearachd eagalach,

oir an trath a bha sith eadar an Transbhaal 'us Breatunn, bhris iad lagh seasmhach nan rioghachdan, agus chaidh iad le saighdearan a stigh do 'n Transbhaal a chum 's gu 'n togadh iad aramach an aghaidh luchd-riaghlaidh na dùthcha. Le onoir 'us ceartas, dhiult Breatunn leth-sgeul Rhodes agus a chairdean a ghabhail. Dh' innis fir-riaghlaidh Bhreatuinn gun tamh, gun eagal, gun eisimeil, gu d' rinn na daoine ud ni 'bha fuasach cearr 'us mi-laghail, agus gu robh iad airidh air peanas fhuiling. Thog Breatunn a guth gu h-ard agus gu firinneach as leth gach lagh 'us ceartas eadar rioghachdan na talmhainn. Dh' fhuiling Rhodes agus a luchd-comhairle mi-mheas 'us tair gle mhaslach, airson an uile a rinn iad. Thig an latha, co-dhiu, anns am bi cumhachd, 'us ceartas, 'us saorsa, 's suaicheantas Bhreatunn, air an aithneachadh, 's air an aideachadh 's air an daighneachadh, ann an comhnardan, ann am fasaichean, anns gach fearann brioghmhor 'us learga bheartach, anns gach cnoc 'us glaic, 's air gach sruth 'us amhuinn a chitear ann an <eng>Africa<gai> mu dheas. Tha sinn a' cluinntinn an drasd' agus a rithist gu bheil eucoir air a dheanamh air na daoine bochda d' am buin <eng>Africa<gai>, oir bha iad fein agus an sinnsirean a' tuineachadh ann, cian mun do thoisich rioghachdan na Roinn-Eòrpa, air eolas fhaotainn no air sealbh a ghabhail, air no ann an <eng>Africa<gai> mu dheas. Am feadh a bha MAC-TALLA 's mi fein anns an sgoil, is e blar ban gun chomharradh, a bha ri fhaicinn air gach dealbh-dùthcha 'bha againn an ceann mu dheas <eng>Africa<gai>. Tha gach ni 'nis air caochladh. Tha na Frangaich a tha deigheil air fantuinn ri taobh a' ghealbhain aca fein anns an Fhraing; 'us na Gearmailtich bhreuna 'tha creidsinn gur ann le fudar 'us luaidh a nitear am maith a's modha do threubhan aineolach <eng>Africa<gai>; tha iad uile 'toirt gach oilbheum 'us dragh a tha 'n an comas do Bhreatunn. Buinidh e do lagh, 'us do shaorsa, 'us do stuaim, 'us carthannachd 'us treibhdhreas Bhreatuinn gu h-iomlan, gu nochd a seirbhisich anns gach cearna de 'n t-saoghal foighidinn 'us tìlus, 'us caoimhneas 'us cairdeas, ris gach fine 's treubh, bitheadh iad borb no fiadhaich no ceann-laidir, a tha 'tighinn no thig gu brath fo thearmunn no fo dhìdein Bhreatuinn, tir na saorsa, 's a cheartais, 'us an ionracais, am measg rioghachdan an t-saoghail gu leir. Air taobh an iar <eng>Africa<gai> tha Breatunn a' gabhail moran saothrach agus a' faotainn aimhreit gu leoir anns gach oidheirp a tha i 'deanamh airson a coirean fein a dhion agus sonas 'us tearuinteachd 'us saorsa aisig do <eng>Africa<gai> 's a bhuileachadh air na fineachan a tha 'tighinn fo 'curam 'us fo dìon anns a' Mhor-Roinn so. Cha 'n eil dragh air bith aice ann an ceannardan dileas, duineil, comasach, firinneach, glic, fhaotainn am measg a daoine fein, a theid gu crìochan an t-saoghail agus a ghabhas curam de gach fina ùr, 'us de gach tir no dùthaich nuadh, air am bheil i gabhail seilbh no d' am bheil i 'tairgseadh tearuinteachd. Is e daoine fuileachdach a bha anns na h-Ashantais. B' abhaist do na rìghrean aca 'bha 'g iobradh fir 'us mnathan, d' an diathan fein, no do spioradan an sinnsir. Cha robh maith air bith a bhi 'toirt achmhasan doibh. Mu dheireadh, roghnaich Breatunn crìoch a chur air an rioghachd mhosach so. Is maith a's aithne do na daoine borba ud gunna 'losgadh agus namhaid a mharbhadh. Thug na Breatunnaich leo pailteas anabarrach de gach seorsa obair theine, 's an uair a thainig an oidhche lion iad an iarmailt os cionn nan Ashantais, leis gach teine de 'n t-seorsa so

'rinn gleadhraich eagalach agus a lion an t-athar le solus 'us fuaim a chuir oillt air na h-Ashantais thruagha. An trath a thainig solus an latha 'maireach, chuir an rìgh teachdairean a dh' ionnsuidh ceannard an fheachd Bhreatunnaich, a' guidhe air stad a chur air an teine so, 's a' gealltuinn gu strìochdadh e gu toileach. Fhuair Breatunn, gun urchair a losgadh, no duine 'mharbhadh, buaidh air na h-Ashantais; agus, mar so thainig crìoch air iobradh fir 'us mnathan, agus thoisich na h-Ashantais air abhaistean laghach, ceanalta 'leantuinn. Theid iad air an aghaidh ann an eolas, 's ann am beusan cubhaidh, measarra.

CONA.

Chaidh leabhar a sgrìobhadh ann an Sina o chionn còrr 'us coig ceud bliadhna air ais, anns am bheil fàidheadaireachd a tha 'g innse gu 'm bi air a bhliadhna so a tha làthair, Sina air a roinn, agus gu 'm bi i o so a mach fo riaghladh còig cinnich. Tha na Sineich fhéin a toirt na fàidheadaireachd sin gu cuimhne, agus ag radh gu bheil an dùthaich gu bhì eadar Ruisia, a' Ghearmailt, an Fhraing, Iapan agus Breatunn, agus tha cùisean a' sior fàs na 's coltaiche gur ann mar sin a bhitheas.

Comhradh nan Gaidheal.

COMHRADH EADAR TEARLACH OG AS AN EILEAN SGIATHANACH, CALUM MAC FHIONNLÀIDH A MHUILE, AGUS DUGHALL MAC GRIOGAIR A PEAIRT.

(Air a leantuinn.)

Dh' fhàg an sealladh oillteil ud tinn mi, ach, aig an aon àm dh' éirich 'nam chridhe mor thaingearas do 'n Chruithfhear a chum na biasdan fuilteach air falbh fhad 's a bha sinn 's an uisge. Thainig gu m' chuimhne na sreathan a leubh mi 'sa Ghàidhlig uair air Montròs 'nuair chaidh buill a chuirpsan a sgathadh o cheile, agus air do Dhòmhnall beag fhoighneachd dhìom cìamar 'gheibhte an sgiobair aig an latha dheireannach, dh' innis mi dha, cho maith co dhiu 's a b' urrainn domh, mu dheighinn an duine mhor eireachdail sin-Montròs-'s mar dh' eirich dhàsan; chuir so cuid mhor dhe 'n oidhche seachad, oir cadal cha robh 'nar comas a dheanamh, agus mu mheadhoin oidhche chunnaic sinn reul soilleir lasrach air a thilgeadh mar gu'm b' ann gu siubhlach thar na speuran, agus ged nach 'eil mi a làn chreidsinn ann, no mu na theirear air a cheann, shaoileam gum b'e dreug an fhir sin a bha nis na bhloidibh ann am broinn nam biorach chraosach bh' ann. Cha ruig mi leas ar pianadh fhearaibh le bhì 'g aithris sgeul gach latha 'us oidhche air leth, ach their mi so gun fhacal breige, gun robh sinn deich lath' 'us oidhche air na sparran sin, fad seachduin dhe 'n uair maith, agus am muir ciuin, feathach, ach air an t-seachdamh no 'n ochdamh lath' 'us oidhche fhuair sinn ar luasgadh 's ar crathadh gu h-olc, ionnas 's gun do theapas an ràmhach bochd sin bha fodhainn a sgaradh o cheile agus ar bàthadh, ach, taing 'us cliù do 'n tighearn, lean e ri cheile, agus, mar is maith a chreideas sibh, bu teann a lean sinne ris. Fad na h-ùine sin

cha 'n fhaca sinn sealladh de luingeas sam bith, agus bha nis dithis no triùir dhinn gun chomas gluasad agus air toirt thairis gu buileach. Air maduinn an naoidheamh latha, an deigh an luasgadh uamhasach sin a dh' fhuiling sinn mar thubhairt mi, dh'innis Mac-a-Ghobha dhuinn gun robh sinn a nis gun bhiadh gun deoch, agus is maith a thuigeas sibh 'de 'm buaireadh a chuir sin oirnn, orrasan co-dhiu bha comasach air a thuigsinn no a chluinntinn, mar chitheadh neach sam bith leis mar nach d' thug dithis no triùir dhiu feairt sam bith, oir bha iad sin cha mhor gun mhothachadh, agus ged thubhairt fear bha 'n sin-fear Oslen, Lochlunnach-gum faodamaid an cù a mharbhadh, cha deach sin le cach uile, leamsa gu h-àraid; agus air son Dhòmhnuille bhig 'nuair chual e ciod e bha 'm beachd Oslen, dhùisg e suas agus a' beireachdainn air an abhaig, nach robh fada uaith gu dearbh, ars esan riumsa "Na leig leò a Theàrlaich Bran bochd a mharbhadh" Thubhairt mi fhein gun deanainn na b'

(Air a leantuinn air taobh 326.)

[TD 324]

[Vol. 6. No. 41. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, <eng>8 APRIL, 1898.<gai>

Tha atharrachadh mor air tighinn air cùisean a thaobh Shina o chionn seachdain. Bha Breatuinn roimhe so air son an dùthaich sin a chumail mar a bha i roimhe, air a riaghladh le a sluagh féin, agus gun chòir a bhi aig aon seach aon de rioghachdan na Roinn-Eòrpa air mir dhi. Ach a dh' aindeoin sin ghabh Ruisia sealbh air caob math de Shina, agus mur d' rinn a Ghearmailt an ni ceudna bha roimpe dheanamh. 'N uair a chunnaic riaghladh Bhreatunn mar a bha cùisean a' dol, tha e

coltach gu'n do smaoinich iad nach b' fhiach a dhol a chogadh os leth Shina, agus gu'm b'e 'n aon ni a b' fhearr do Bhreatunn a dheanamh greim a dheanamh air pàirt de'n fhearann dhi fhein. Cha'n eil fhios againn gu de chuid air an dean i greim, ach 's cinnteach an ni ma tha oighreachd Shina gu bhi air a roinn idir, gu'm bi an earann a's motha aig Breatunn; cha'n fhaigh Ruisia no rioghachd eile air toiseach oirre anns an dòigh sin.

Tha sith eadar na Stàitean agus an Spàin fhathast, ach tha fìor choltas na h-aimhreit orra. Bhatar ag radh toiseach na seachdain so gu robh rioghachdan na Roinn-Eòrpa toileach feuchainn ri réit a dheanamh eatorra, ach a reir coltais cha rachadh Breatunn leotha anns a' chùis, agus b' fheudar dhaibh stad. Bhatar ag radh mar an ceudna gu robh am Pàp a' feuchainn ri sìth a dheanamh, ach ma bha, cha do shoirbhich leis. Tha na Stàitean ag iarraidh gu 'm bi saorsa iomlan air a thoirt do Chuba, agus mur aontaich an Spàin sin a dheanamh, tha e doirbh fhaicinn ciamar a ghabhas cogadh seachnadh.

Gheibhear anns an àireamh so litir ghasda bho ar seann charaid "Bodachan a' Ghàraidh, sgriabhadair air am bheil ar leughadairean uile gle mheasail, agus o'm bu mhath leotha bhi cluinntinn na bu trice. Tha dòchas againn nach fhada gus an sgriobh e ugainn a rithist.

Litir a Margaree.

FHIR-DEASACHAIDH CHOIR:—Tha mi faighinn MHIC-TALLA gasda, 'chuile seachdain, gu riaghailteadh, 's e còrdadh rium fìor mhath; agus gu h-àraid' an da àireamh mu dheireadh, anns am bheil beagan fhacal-fìor bheagan seach mar a dh' fhaodadh a bhi ann—a molladh nighean uasal àraid a tha fuireach—O! cha mhor nach d' innis mi; cha mhor nach d' thuirt mi "Ann' oirre fhein is Gillios air a h-athair." Coma co dhiu, tha i bòidheach; ach de 'math a ni sin dhomhsa, oir

"'S iomadh car a dh' fhaodas tigh'nn air na fearaibh
'S theag' gun gabh iad gaol air an te nach fhaigh iad."

Tha side bhriagh' againn bhona thainig an Geamhradh, agus rud a's fhearr uile, slainte dhaoine 'm bitheantas. Tha biadh dhaoin' agus bheathaichean ann an riaghailte de phailteas, agus taing do'n Fhreasdal, mar theireadh Gilleaspuig Mor, cha'n eil duine <eng>"stuck,"<gai> cho fada so.

Tha dùil againn ris na h-uiread de dh' oibrichean a bhi dol air aghart air an taobh so dhe 'n eilean air a cheud Shamhradh: tolladh air son olla aig Loch Ainslie; cladhach air son òir ann a Hogama; rathad iarrain eadar an Gut agus <eng>Broad Cove,<gai> agus bha Iain Mor ag innse dhomh gus robh bruidhinn air <eng>"Extension of time,"<gai> cuideachd, ge b'e de tha sin a ciallachadh. Ma theid a h-uile obair a tha sin air aghart bidh sinn <eng>flush.<gai> (Nach eil mi tapaidh). Ach tha mi 'n dòchas nach "teid a chaor' aog a feitheamh ris an fheur ùr."

Tha luchd nan damh biadhhte 'toirt géil nach eil bùidsearan a' tighinn 'gan ceannach, ach biodh foighidinn aca. "Ge b'e 'ghleidheas long gheibh e latha."

Tha Penny Ghillis gle thinn, ann an tigh Chalum Iain, bho cheann còrr us seachdain, leis an "lòinidh mhor." Is nighean Penny air am bheil meas mor aig a h-uile duine, agus tha sinn an dòchas gu'm faigh i lamh-an-uachdar air a tinneas an ùine ghoirid.

Bidh mi sgur air an turus so, ma fàs sibh cho sgith dhe m' chuid seanchais 's a dh' fhàs an losgann do'n chliath-chliathaidh.

Tha mi 'n dòchas gu'n gabh sibh mo leth-sgeul ma tha mi 'cur trioblaid oirbh. Tha Dùghall Buchanan ag ràthainn nach

"'Eil neach o thrioblaid saor
Am measg a' chinne-daonn' air fad,
'S co lionmhor osna aig an rìgh
Is aig an neach is isle staid."

'S mi ar caraid an latha 'chi 's nach faic,

AN GILLE GLAS.

Tha an t-àrd-riaghladh a dol a chosg nan suimeannan a leanas ann an Ceap Breannun air a bhliadhna so: ann am <eng>Port Hood,<gai> air son càradh na laimhrig, \$500; Siudaig-laimhrig ùr, \$4,000; Margaree-meudachadh laimhrig, \$4,000; an Amhuinn a Tuath-laimhrig, \$2,000; L' Ardoise-càradh laimhrig, \$3,500; Hogomah-laimhrig, \$1,000.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr taillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa. Gearradair air ur-ionnsachadh ann
an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an New York.

Theid sinn an urras air an obair.
Mac Coinnich & Co.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 325]

[Vol. 6. No. 41. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha am mìos Màrt anabarrach briagha, cho briagha 's nach eil cuimhne
eadhon aig na daoine 's sine 'san dùthaich air a leithid fhaicinn.

Buinidh a chuid a's motha de 'n t-sluagh a th' ann an Dawson,
ceanna-bhaile a' Chlondaic, do na Stàitean. Cha 'n eil mi-riaghailt
mhor sam bith ann. 'N uair a ruigeas tuilleadh de mhaoir-sith
Chanada am baile, bidh e cho rianail ri àite sam bith.

Rinn Innseanaich Chanada an uiridh, fiach faisg air da mhuillean gu
leth de chosnadh, eadar tuathanachas, iasgach 'us sealgaireachd. Tha
riaghladh Chanada a buntainn gle chaoimhneil ris ua h-Innseanaich,
agus tha iad air sàileabh sin a' deanamh deagh adhartas.

Tha àireamh mhath de thuathanaich Breatunnach a' togail fearainn ann
am Manitoba 's anns an Iar-thuath air an earrach so. Tha dùil ri
àireamh mhor a thighinn bhar tir-mor na Roinn-Eòrpa, ach cha 'n eil
an riaghladh cho deigheil air iad sin fhaotainn, oir cha 'n eil iad
air chor sam bith nan sluagh cho math riutha-san a thig á Alba, á
Sasunn 's á Eirinn.

Tha naigheachdan iongantach a sior thighinn as a' Chlondaic. Thatar
a' meas gu 'm bi fiach deich muillean fichead dolair de dh' òr air a

chur a mach as an dùthaich sin air an t-samhradh s'a tighinn. Tha 'san ainm gu bheil a' faotainn chnapan òir is fhiach bho mhìle dolair suas gu naodh mìle. Tha moran sluaigh ann a nise, agus 's ann a' dol na' s motha tha 'n àireamh gach seachdain. Bha an geamhradh a chaidh seachad gle fhuar.

Tha na bàtaichean-smùide, "Marion," <eng>"Blue Hill,"<gai> agus <eng>"May Queen,"<gai> ga bhi ruith air lochan a' Bhras d' Oir air an t-samhradh so mar a b' àbhaist. Tha iad air an càradh 's air an ùrachadh gu math, agus tha dùil gu 'm bi iad an iomadh doigh air thoiseach air mar a b' àbhaist dhaibh. Bidh am <eng>"Blue Hill"<gai> a ruith eadar na Narrows Mhora agus Baddeck, am <eng>"May Queen"<gai> eadar Hogamah agus am Bras d' Or Beag, agus am "Marion" eadar Caolas Chnnsò agus Sidni. Tha chuideachd d' am buineadh na bàtaichean roimhe so, an deigh an creic ri cuideachd ùr, cuideachd a tha daoine 'n dùil a bhios na 's comasaiche air luchd-siubhail a riarachadh.

Thainig sgrios uamhasach air baile Shawnee, ann an Illinois, feasgar na Sàbaid s'a chaidh. Mu shia uairean bhrìst balla a bha 'dion a' bhaile bho uisgeachan na h-aimhne, agus ann am beagan mhionaidean bha am baile fo 'n tuil. Bha moran de na taighean air am bristeadh 's air an cur leis an t-sruth, agus bha àireamh mhor dhiubhsan a bha 'fuireach annta air am marbhadh no air am bàthadh. Fhuair an àireamh bu mhòtha de 'n t-sluagh teicheadh gu talamh àrd, ach bha 'n sgeul mu dheireadh a fhuair sinn ag radh gu robh còrr us da cheud air am bàthadh, agus bha cuid a meas gu robh an àireamh suas ri coig ceud. Cha robh ach da thigh air am fàgail nan seasamh anns a' bhaile.

Tha riaghladh Newfoundland a thoirt oidhearp air misneachd a thoirt do 'n t-sluagh gus am fearann a réiteach agus àiteachadh. Tha gu leòr de dh' fhearann math air an eilean sin, ged nach d' rinneadh gus a so, moran dheth a chur gu feum. Tha an riaghladh a' dol a thoirt duais fichead dolair do gach duine a reiticheas, agus a bheir gu feum, acaire fearainn; cha phàigh iad aon duine sam bith ach air son tri acraichean 'sa bhliadhna. Bha muinntir Newfoundland roimhe so a leigeadh an taic tuilleadh 'sa chòir ris an iasgach, agus 'nuair a rachadh sin 'nan aghaidh bhiodh bochduinn agus gorta 'nam measg. Ma thòisicheas iad air tuathanachas bidh cothrom na 's fhearr aca air beòlaint chinnteach a dheanamh.

Tha an deigh air bristeadh air Amhuinn <eng>St. Lawrence,<gai> agus tha dùil ris na soithichean a ruigheachd Mhontreal an ceann seachdain eile.

'S e Di-dònaich s'a tighinn Di-dònaich na Càisge. 'S e so an ceathramh uair a thainig a Chàisg air an deicheadh latha dhe 'n mhios, o thoiseach na naodhamh linn deug. B' iad na bliadhnaichean air an d' thainig i air an deicheadh latha: 1803, 1814 agus 1887.

Bha tuiltean agus stoirmeannan mora ann an cuid de na Stàitean an iar o chionn da sheachdain air ais. Dh' éirich an Amhuinn Mississippi cho àrd ann an àiteachan 's gu 'm b' fheudar do mhiltean de shluagh nam bailtean agus na dùthcha m'a timchioll an taighean

fhàgail, no còmhnuidh a ghabhail air na lobhtaichean. Rinn na tuiltean call mor.

Bhrìst an deigh air an acarsaid deireadh na seachdain s'a chaidh, agus Di-luain thòisich am bàt-aiseig "Hygeia" air ruith eadar an da bhaile. Tha so gu math na 's tràithe na b' àbhaist. Cha'n eil a' cur iomguin air daoine nise ach an "deigh mhor;" mur tig ise stigh bidh muinntir a bhaile 'g an cunntas fhéin gle shona. B' fheudar do'n bhàta stad Di-ciaduin, leis an deigh.

A sheachdain gus an dé, bha duin' òg d' am b' ainm Matthias Kilbride, air a bhàthadh faisg air Alberton, E. P. I. Bha e anns a' bhaile le lòd feòir, agus an deigh dha a chreic ghabh e an daorach. Dh' fhalbh e dhachaidh mu shia uairean, ach cha d' fhuair e sgeul air uaithe sin. Thatar a deanamh a mach gu 'n deach e fhéin 's na h-eich 's an t-sleighe ann an toll a fhuair e air an deigh, ach cha d' fhuair e a chorp fhathast.

O chionn beagan sheachdainean ais ais, thug dithis dhaoine ionnsuidh air Deòrsa, rìgh na Gréige, a mhort. Choinnich iad e 's e tilleadh do 'n bhaile, agus loisg iad a dha no trì dh' urchraichean air; ach fhuair e as an lamhan tearuinte. Bha 'n dithis dhaoine a thug an ionnsuidh air an glacadh, agus aig cùirt a bh' air a cumail deireadh na seachdain s'a chaidh, bha iad air an dìteadh gu bàs. Tha fear dhiubh ann an trom chaitheamh.

Chaidh am "bill" a chuir an riaghladh troimh thigh nan cumantach, a thaobh togail rathaid-iaruinn do 'n <eng>Yukon<gai>, a thilgeadh a mach leis an t-seanadh. Bha leth-cheud 'sa dha an aghaidh, agus ceithir deug air taobh a' "bhill." Cha 'n eil fhios fhathast ciod a tha 'n riaghladh a' dol a dheanamh, ach 's cinnteach gu 'n dean iad ni air choir-eigin, oir 's gann gur h-urrainnear an dùthaich bheairteach ud fhàgail gun dòigh chothromach a bhi aig sluagh air a ruigheachd no a fàgail.

Bha stoirm mhor anns na h-Eileanan Breatunnach o chionn che'-la-deug air ais, a rinn call nach bu bheag air beatha agus air cuid dhaoine. Bha balla air a leagadh leis an stoirm ann am <eng>Birmingham<gai>, agus mharbhadh ceathrar dhaoine leis. Chaidh soitheach-iasgach a chur fodha mach o Obaraidhean, agus chailleadh an sgioba gu h-iomlan. Chailleadh ceathrar air soitheach air cladach Eirinn. Aig Marseilles, anns an Fhraing, chaidh soitheach-smùide a chur fodha, agus bhàthadh gach aon a bh' air bòrd, deich duine fichead.

Tha cuid de phaipearan-naigheachd nan Stàitean tuilleadh us deigheil air a bhi toirt sgeul air gach murt us droch ghnìomh air an cluinn iad iomradh. Bhatar a' feuchainn mortair ann an Lincoln, an stàit Illinois, o chionn ghoirid, agus tha e coltach gu robh moran de na bh' aig na fianuisean ri innse nach robh ro fhreagarrach a chur an clò. Ach fhuair aon de na paipearan greim air an iomlan 's chlo-bhuaileadh e. 'N uair a thainig am paipear a mach, cha leigte troimh 'n mhail e, agus a bharrachd air sin chaidh am fear-deasachaidh agus an sealbhadair a chur dh' an phrìosan.

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu

Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.

An Stor aig

<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>

SIDNI, C. B.

Gabh Deagh Chomhairle

agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho

<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn, agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleir gle thoileach a shealltuinn.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaig air laimh. Ma tha thu air son Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig

Niall Mac Fhearghais,

an Taillear,

agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige math 's bidh, iad an an deanamh a cheart cho math.

Cordaidh 'Obair Riut.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B

[TD 326]

[Vol. 6. No. 41. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 323.)

urrainn dhomh gus a shaoradh, ach gun robh eagal orm gum feumt' roghainn a bhi aca gu goirid, agus thubhairt Mac-a-Ghobha "Mur faic sinn long aig briseadh an latha màireach feumaidh sinn an cù a mharbhadh." Bha grian an latha sin na 's teotha na bha e fad na h-

ùine truaidhe bha sinn ga 'r fuadach, agus bha bhuil ann, oir mu mheadhoin latha dh'eirich fear dhe na truaghain, a bha cha mhor gu sin gun mhothachadh, air a chasan ag eigheach gun robh e 'faicinn achaidhean gonna 'us sruthan uisge, preasan 'us craobhan dosrach 's a leithid sin. "Sud, sud, sud iad" ars' an truaghan bochd. Bha e, chunnaic mi, gu glan air a dhol as a bheachd. Leum mi fhein, am mate, agus fear no dha dhe 'n fheadhainn bu treise 'nar measg gu greim a dheanamh air, ach, le seoltachd na cuthaich, rinn a ar seachnadh gu h-ealamh, agus le 'shùilean a lasadh na cheann le teine an fhiabhruis bha ga chlaoidh 's ga losgadh, 'mach air a mhuir bha e mas do thàr dhuinn làmh a chur air Cha b' e so a chuid bu mhiosa dhe 'n ghnothuich, dona gu leòir 's mar bha e, oir bha da bhiorach mor, no <eng>"sharks,"<gai> a sior snàmh taobh ri taobh ruinn, agus cho luath 's a leum an creutair bochd a mach, sios chaidh na cinn aca còmhla. 'Nuair dh' eirich an duine bochd gus an uachdar 's gann a rinn e buille no dha bhuainn 'nuair chunnaic e iad, agus le sgal tha ruith 'nam cheann 's 'nam chlaiginn fhathasd, thionndaidh e 'n rathad bha 'n ràmhach a rithisd, ach, ann am priobadh na sùla 's mas b' urramaide urrad 'us ar lamhan a shineadh dha, ghlacadh leis na beistean craosach e agus sios sios chaidh a shlaodadh 's cha 'n fhacas an còrr dheth leinne ach ball mor dearg air uachdar an t-sàile, 's tuigidh sibh fhein fhearaibh ciod e bha sin. Chrom sinn ar cinn 'us gun guth a ràdh, lean na bha comasach dhinn air sealltuinn a mach gu cruaidh 's gu fìor chruaidh air son luingeas a thighinn am fradharc, agus air an doigh sin chaidh a ghrian fodha aon uair eile air sgioba cho truagh, agus a reir a h-uile coslais cho faisg air bàs 's a chunncas riamh.

So dhuibh a nis fhearaibh pairt dhe m' sgeul cho iongantach 's a chuala sibh fhathasd agus faodaidh e bhi gum bi e doirbh leibh a shlugadh ach cha'n 'eil facal breige ann.

DUGHALL—Bho 'n th' againn ri bhi 'n ceann gnothuch beag eile an ceart-uair-se sin aig Calum 's agam fhein dean stad an dràsda Thearlaich 'us tarruinn d' anail gus an till sinn.

TEARLACH—Gle mhaith fhearaibh, cha 'n 'eil mi fhein gun iarraidh air sgur, ach bitheabh sgiobalta, ach an innis mi dhuibh "Taibhse phiuthair Dhòmhnuille bhig."

TAIBHSE PEATHAR DHOMHNUILL BHIG.

TEARLACH—Mu mheadhon oidhch' an déigh na dh' innis mi dhuibh mas d' fhalbh sibh, dhùisg Dòmhnall beag—'s cha bu doirbh sin—bha mise air an fhaire aig an àm air neo cha b' urrainn domh bhi cho cinnteach mu 'n ghnothuch, agus thubhairt e rium—"A Thearlaich saorar sinn fhathasd, saorar sinn 's a mhaduinn agus cha mharbh iad Bran orm." Shaoileam fhein gun robh e dh' aona chuid a' cuir ceist orm, neo gun robh e aotram 'sa cheann, no 'na leth dhùisg, agus fhreagair mi e gu socrach mar b' fhearr a b' urrainn domh, ach thog mi cearr e, oir lean e air a radh "saorar sinn, saorar sinn" gus am b' fheadar dhomh fhoighneachd dheth ann an leth spòrs, agus tha fios aig Dia 'de cho fada 's a bha spòrs bhuan aig a cheart àm—"Am fac thu taibhs'

'ille?" Cha 'n fhac," arsa Dòmhnall, "ach chunnaic mi mo phiuthar, Raonaid bheag, bhàn 'nam bhrudair 's mi 'nam chadal an dràs, agus leig i fhaicinn domh, air doigh anns am bheil mi a làn chreidsinn-oir cha d' innis i breug riamh dhomh—ciamar a bhitheamaid air ar saoradh mar thubhairt mi." Cha robh agam air ach éisdeachd ris, agus iarraidh air innseadh mar a chunnaic e 'sa bhrudair, agus so mar dh' aithris e rium—"Bha mi," ars' esan, "gam fhaicinn fhein aig an taigh ann an Leòdhais agus mi an deigh an crodh a leigeil a mach as a bhàthaigh 's gan iomain suas an lag aig cùl an t-sabhail 'nuair chunnaic mi Raonaid bheag a' dìreadh ri uchd gleois, agus ged smeid mi orra a ris 's a ris 's a ris cha d' thainig ni's fhaig orm na gàradh fàil bha 'n sin air 'n do sheas i, 's a sineadh a mach a làmh gus an àird an ear far an robh a ghrian aig an àm ag éiridh eadaruin 'us eilean Rona; cha toireadh i feairt orm idir idir, agus mu dheireadh 'nuair chunnaic mi sin sheall mi fhéin an rathad a bha i 'beachdachadh, agus 'de bha sin ach long mhor thri chruinn, a' seòladh a mach o 'n àird-an-ear, agus air tionndadh dhomh gus oidhirp eil' a dheanamh air bruidhinn ri Raonaid, cha robh piochd ri fhaicinn dhi thall no bhos.

Dhùisg mi an deigh sin agus, a Theàrlaich, tha mi cho cinnteach agus a tha mi air fuadain an so còmhla' riut, gum faic sinn long a' seòladh mu àm éirigh na gréine am màireach—agus cha mharbh iad Bran bochd orm, o cha mharbh, cha mharbh a chuilean," 's e toirt fàsgadh air a chù. Dh' éisd mi fhéin le gnà de dh' uamhas ann an sàmhas ris a ghiullan, ach 'de b' urrainn domh a ràdh, agus le Dòmhnall bhi cho dùrachdach dearbhta mu 'n ghnòthuich; luidh am brudair aig' air m' inntinn cho trom 's nach d' fhuair mi norradh cadail, agus 'nuair a las na speuran aig bristeadh an latha, faodaidh sibh bhi cinnteach gum bu gheur mo shùilean a' sealltuinn 'san iarmailt far an robh a ghrian a tighinn am fradharc. Mar thubhairt b' fhior, oir cha robh a leud féin os cionn nan tonn 'nuair chunnaic mi na chuir m' fhuil gu leum 'nam chridh 's 'nam chom, agus b'e sin croinn 'us slatan luinge, dìreach mar bha Dòmhnall beag ag ràdh a chunnaic e na bhrudair; bu ghrad a leum mi gu m' chasan, agus a' greimeachadh air a' ghloin-amharc, thug mi oidhirp air a chuir dìreach air na chunnaic mi, ach mas do tharr dhomh sin a dheanamh le mo làmh bhi air chrith, bhrùc a mach bho fhear eile dhuin an éigh <eng>"Sail a' hoy!"<gai> Sin far an robh an dùsgadh 's an leum 'measg ar sgioba truagh, airtneulach, gach fear a' sealltuinn an rathad bha mise coimhead, agus cha b' fhada gus an d' thubhairt am <eng>"mate"<gai>—taing do Dhia tha i 'stiùradh an rathad so 's cha'n fhada gus an cluinn i sgàl bh'uainn, ach gus a sin, cuireamaid suas an t-slat a thuit oirnn ris a ghaillionn an là roimhe, agus gibeag luideagach a dh' aodach air choireignich an ceangal ris a bhinnein, a leigeas fhaicinn daibh air bòrd—mas e 's gum bith iad a' sealltuinn a mach mar bh choir dhaibh, gum bheil ar leithidean an so. Gus an sgeul a thoirt gu criche cha 'n abair mi 'n còrr mu dheighinn, ach gun d' thainig an long faisg gu leòr gu ar cluinntinn 's ar faicinn, ged thubhairt iad gum b'e ulalaich a choin a chual' iad an toiseach—Chaidh ar cur air tìr ann am Poll—a ghrubhain an ceann seachdain no dha an deigh sin.

Chaochail dithis dhe'n sgioba latha no dha an deigh ar saoradh dh'

aindeoin aire dhùrachdach an leigh bh' air bord, ach thainig càch gu maith uaith' an deigh moran fhuilgais air nach ruig mi leas 'bhi tighinn an dràs; air mo shon fhéin tha mo cheann a foillseachadh mar luidh e ormsa, oir tha mi liath o'n là ud. Sin agaibh a nis fhearaibh a chrois a's mo anns an robh mi fad mo sheoladaireachd.

D.—Air mo bhogadh ann an Loch-Fine cha toir mi guth tuille an deigh dhomh do sgeulsa a chluinntinn a Theàrlaich, agus tha mi 'n dòchas nach coire dhomh a radh—"Am fear d' an dàn a' chroich cha teid gu bràth a bhàthadh!"

CALUM—Mur b'e mar thachair dhuinn uile 'san uisge 's air an uisge theirinn "mo nàire" riut a Dhùghail 's gum b' olc do bhreith, agus mar a chaitheas duine a bheatha fhein 's ann a bheir e breith air a choimhearsnaich—Ni Maith eadar mi 's tu, ma's e sin do bheachd air Tearlach!

D.—Tha mi 'g iarraidh moran maiteanais, cha robh mi ach ri spòrs, ach their mi so, agus tha e 'cur iongantais mor orm, ciamar air an t-saoghal a ghleidh thu a' Ghàidhlig cho maith a Thearlaich?

T.—Ciamar a ghleidh mi a' Ghàidhlig! an d' thubhairt thu? 'Se "Ciamar a chaillinn i" a cheisd bu chòir a chur. Tha e nis faisg air còig bliadhn' 'ar fhichead o'n chuir mi cùl an toiseach ri eilean us tir mo ghràidh, agus a sheòl mi mu dheas air a Rudha Mhorchuanach an toiseach, agus tha mi taingeil gur urrainn mi 'ràdh le firinn gum bheil a' chainnt agam ni 's fhearr na bha i agam an lath ud, le bhi ga sior leughadh, 's ga sgrìobhadh 'nuair fhuair mi cothrom, a bhàrr air a bhi ga bruidhinn an dràs 's a rithisd; agus, mur 'eil mi 'gar bodhradh le mo chuid fein-fhiosrachadh, faodaidh mi innseadh dhuibh ma 's teid sinn a laidhe mar chaidh agam air.

[TD 327]

[Vol. 6. No. 41. p. 7]

C.—Tha mise réidh agus theid mi an urras airson Dhùghaill.

T.—So mata fhearaibh mar tha 'chùis; an oidhche mas do dh' fhàg mi an Ath-leathain thainig mo sheann mhaighstir-sgoil' a choimhead orm, agus an deigh graine mhaith 'sheanachais, agus ioma' deagh chomhairle uaithesan, air gabhail beannachd rium chuir e 'nam laimh dà leabhar Gàidhlig—Biobull agus Gramar dùbailt. 'Se sin an da leabhar phriseil le cheil ann an Gaidhlig 's am Beurla, agus dh' iarr e orm gu dùrachdach, agus sin ann am briathraibh sòlaimte, a cheud fhear a leughadh gu cunbhalach, agus am fear eile fhoghlum air a h-uile cothrom a gheibhinn. Thug mi 'n taing dha mar b' fhearr a b' urrainn domh aig an àm, agus gu dearbh iomadh lath' 'us uair o sin, oir, le foclair ('se sin <eng>"Dictionary," <gai> a Dhùghaill) a cheannaich mi, agus le bhi a' leughadh a n-uile leabhar 'us paipeir Gàidhlig dheth, air air an ruiginn, fhuir mi mi fhéin a dol ni 's deiseile air a' chainnt a leughadh 's a sgrìobhadh o là gu là, ann an ùine bha gle ghoirid, agus sin a thuilleadh air cainnt sam bith

eith eile—agus rinn mi leth-eolas air te no dha, mar fhuair mi cothrom air tir ann an dùthchanna céin. Mar tha fhios agaibh bhithinn daonnan a tighinn dachaidh a h-uile bliadhna cha mhor, fad mios no raidhe, agus cho luath 's a gheibhinn saor, agus cuidhteas m' aite bheirinn an t-Eilean orm far an do ghleidh mi m' eòlais 's mo luchd-eòlais dh' aindeoin gach caochladh anabarrach a thachair ann 's orra, agus cha bu bheag iad; agus 'nuair thig dhomh "feasgar fann mo lo" a chur seachad ann an àitegineach, is ann ris an Eilean tha mo shùil, agus, le toil an Tigh earn ni mi sin ann fhathasd.

C.—'S breagh do bheachd a Thearlaich agus is bochd nach robh an leithid aig a chòrr dhe 'n fheadhainn sin tha 'toirt a' Ghalldachd orra gu priobaidean airgid a dheanamh, agus nach seall rathad na Gaidhealtachd ri 'm beò, ach neo 'ar thaing an gleadhraich a ni iad—ud! ud! co ach iad? mu dheighinn an luchd-dùthcha bochd, 's mu dheighinn an cuid chòirichean, gun dad tuille gus am bheil moran de na Gaidheil is aineolaiche aig an taigh a' fuireadh nach 'eil ac' ach seasamh aig a cheann stuaidh gus am faigh iad a h-uile ni tha uatha, maith no olc, co dhiubh is ann le daoine eile tha e gus nach ann, agus sin gun mhàl, gun obair, no ni a dhioladh air.

T.—Biodh sin mar a dh' fhaodas, agus b' urrainn domh moran a radh agus a sgrìobhadh air gach taobh dhe 'n ghnothaich mhuladaich sin, tha 'n t-àm dhuinn an leapa 'thoirt oirnn bho na tha moch-eirigh againn ri dheanamh am màireach.—<eng>Highland News.<gai>

AN DA LEIGHEAS

agus <eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION—CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,<gai>

TRATHAN NA BLIADHNA.

"Rinn thu an samhradh agus an geamhradh."—Salm lxxiv: 17.

Tha an salmadair ann an aite eile, an deigh dha beachd shonraichte a ghabhail air an tuigse, air a mhaitheas, 's air a chumhachd a tha air an nochdadh le dealbh sgiamhach, iongantach a chruinne-che, ag eigheach a mach, "Cia lionmhor d' oibrean a Thighearna! ann an gliocas rinn thu iad gu leir; tha 'n talamh lan de d' shaoibhreas." Is ann le bhi 'rannsachadh gu dichiollach agus gu mionaideach gne 'us feum 'us eifeachd nan nithean a chruthaich Dia 's a tha sgaoilte 'n an uile ailleachd 'us maisealachd fa chomhair ar suilean, a tha e 'n ar comas dearbh-bheachd a 's airde 's a 's soilleire a thrusadh mu dheibhinn an Dia oirdheirc, ghloirmhoir sin a ghairm air tus gach neach 'us ni a neoni, agus anns a bheil againn uile ar bith, ar beatha agus ar comas gluasaid. Ma dhearcas sinn air lochran aghmhor nan speur le 'ghnuis ghrianach, chairdeil, agus ma bheir sinn faineas gur i a ghrian a tha ruagadh air falbh dorchadais na h-oidhche; ma ghleidheas sinn air chuimhne gur ann bho mhac nan speur

a tha blaths a' tighinn, agus, mar an ceudna, an solus glan, aoidheil, aidichidh sinn air ball gu bheil na sochairean araon lionmhor agus priseil a tha gathannan dealrach na greine a' frasadh air an t-saoghal. Tha 'm buannachd fein aig an oidhche 's aig an dorchadas. Is anns an trath a tha teas 'us treise na greine a' fannachadh, agus i fein a deifireachadh a dh' ionnsuidh a leabaidh anns an airde 'n iar, a tha 'n driuchd a' braonadh air gach learg 'us comhnard, air gach lus 'us tom, air gach feur 'us fochann, air gach slios 'us cladach.

Tha, shochair, a shugradh 'us aighear fein a' leantuinn gach trath de 'n bhliadhna. Anns an earrach tha gach ni mar gu 'm b' ann a' dusgadh bho chadal fada, trom; tha 'n talamh ag ath-nuadhachadh a thrusgain gu h-iomlan. Tha guirmead 'us boidhichead a' cur sgeimh air gach fonn 'us faiche, air gach gleann 'us glaic. Tha ùrachd 'us ailleachd r' am faicinn air gach coille, 's preas 'us magh. Tha dichìoll, 'us dealas, 'us tapadh mor air an nochdadh leis na tuathanaich am feadh a tha iad a' deasachadh an fhearainn airson an t-sil. Tha eoin bhuchullach an athar a' deanadh gnìomh gu dichìollach 'n an obair uaigneach, sheolta fein ann am mìle craobh, 'us lon, 'us creag.

Thig an samhradh le greadhnachas 'us aoibhneas, agus thig gach geug 'us crann gu luath fo bhìath. Comhdaichidh trusgan eireachdail ann an uine ghearr na blaran a bha dubhach, gruamach, roimhe. Cluinnear guth binn, ceileireach nan eun ag eiridh bho iomadh crann 'us preas; agus fasaìdh suas gu sgìpidh toradh brioghmhor na talmhainn.

Thig am foghar, agus tha obair fein aige r'a dheanadh. Tha an t-
arbhar ann an deich mìle achadh a nis abuich, agus tha na buanaichean le farum taitneach 'g a ghearradh sìos. Is firinneach agus is foghainteach briathran an t-salmadair, "Crunaidh thu, a Dhe, a bhliadhna le d' mhaitheas, agus silidh do cheuman saill. Silidh iad air cluainibh an fhasaich, agus ni na cnuic gairdeachas air gach taobh."

RENA.

(Ri leantuinn.)

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 328]

[Vol. 6. No. 41. p. 8]

Blar Allt-a'-Bhonnaich.

LE IAIN MAC PHAIDEIN.

A thìr nan glean 's nan stùcan cas,
Nan srath, nan sliabh 's nan caochan bras,
'S e taitneas m' inntinn tamull tàmh
Air euchdan na bheil uainn a' snàmh
Le sruth na tim, a shiubhlas luath
'San tric am bàthar gràdh 'us fuath.
O, cuimhnich air na suinn a b' fhiù,
'S a dhòirt am fuil a dhìon do chliù
'N uair thainig nàmh 's a bhagair daors'-
B' i brìgh an gairm chath "Bàs no saors,"
Aig Allt-a'-Bhonnaich bheir sinn buaidh,
No caidlidh sinn gu bràth 'nar n-uaigh."

O Charragh Uallais air an stùc so,
Chi mi sios sruth liath nan lùban,

Allt-a'-bhonnaich 's Cnoc nan gillean:
Chuala 's leugh mi moran uime.
Thog gach ainm a thaobh an sgàile
'Bha eadar mise 's linn nan sàr-laoch,
Mar thogas ceò 'n uair dh' éireas grian.
'S gach meangan failchte 'n dealt na h-oidhch'
A' tilgeil deàrrsadh 's dealradh soills'.
Am priobadh dhearc fo m' shùil
Feachd fo 'n airm 'nan sreathan dlùth,
'S an lòchran àigh a las am fonn
'Cur neamhaid ann an taobh gach lann;
'S 'n uair dh' aomadh e an laimh gach tréin
E 'plathadh caoir mar dhealan spur.
Gach cruth 'nan seòil ri crannaibh caola,
An uair a shineadh iad 'sa ghaoithe,
Bha mi teann an glaic mhic-mheanmna,
Shaoil mi gu'm bu chòir dhomh 'n aithneachdainn;
Feòrag, Fiadh 'us Ian 'us Beithir,
Ceann 'us cròic 's na Ròin o 'n eilean,
Caisteal, Crùn 'us Cù 'us Iolair,
Saighdean paisgte, Cat 'us Cridhe,
Leoghann, Clogad, Craobh 'us Mathghann,
Torc 'us Tarbh, Lamh dhearg 'us Bradan.

Seall, ceann-ruisgte, gach laoch aig fois,
'S am manach liath 's gun bhròg air cois;
Deich mìle fichead air an glùinean:
Cha 'n ann mar chleachdainn ach le dùrachd.

Fada bhuan a' teachd o dheas,
Mar shruth a' tighinn troimh chaiseal bras,
Mar choill 's an sgitheach trom fo bhlàth,
Tha sròilean geala feachd an nàmh;
'Us lùireach mhàlaidh mhìltean treun
A' geiltreadh brionnagach ri gréin.
Dh' fheuch am marc-shluagh 'neart le corruich
Ri daingneach nàdur nan creag corrach,
Air laimh eile sìos 'sna tollaibh
'S ann an sluic nan speic 'gam pronnadh.
Ach lùb am bogha 's chluinnteadh 'fhuaim
Bh' aig slatan dìreach nan ceann cruaidh,
Mar shéideil nathrach anns an tom
'S idol air ghleus gu leum thar fonn
Nan dithean dlùth, mar ghliob an raoin
A' frasadh leòn 'us bàis gach taobh.
'N uair thug an t-sùil nach dùineadh dearmad
Gu dìon a laoich o 'n chlàdan mharbhteach.

Dhiùc a doire dlùth nan tom
An eachraidh eangarra air lom;
Clis neo-mhàirnealach an taruinn,
Nunn 'nan still 's Mac Cithich 'gan sparradh:
Car os cionn an lann a' boillsgeadh
Sgrios le aog air laoich nan saighdean.

Nuallan bagraidh aig an Dràgon.
Dhùisg an Leoghann as a làraich;
Sheall e air na bha mu 'choinnimh:
Shìn e uilt an caol a dhroma:
Dh' fhosgail 's dhùin e iongnan còmhlà;
Thog e stiall de 'n riasg le spògan:
Chas e greann 'us dh' éirich earbull;
Sheas a mhuing a suas 'na dealgan:
Dh' at a ghoile 's nochd e ghonag;
Las a shùil 'na ghnùis le norunn—
'S beag ri iarraidh train de fhuighleach—
Bheuc 'us tha e thall 'na chruinn-leum.
Os cionn gach glaoidh tha gaoir a sgathaich,
'S e 'g aomadh gu gach taobh dheth 'tamhadh;
An deigh gach beum tha cheann 'ga chrathadh
'S fionntach dearg o 'chraos a' cathadh.
Buinn fir Alb ri 'm fonn an taic,
'Us rinn am pìc ri cìbhlean each:
'S tric a thill am brùid 'na dheannaibh,
Fuil 'ga dhìth 's a dhiollaid falamh.
Ach o gach gnop o 'n tillear nàmh
'S ann tighinn air ais le neart is fear,
Mìltean laoch a choisinn buaidh
An iomad cath taobh thall a' chuain.

(Ri leantuinn.)

Air a' Ghille tha mo Run.

Air a' ghille tha mo rùn,
Tha mo rùn air a' ghille;
Bho 'n a thug thu rium do chùl,
B'e mo dhùrachd thu thilleadh.

'S ann a fhuair thu t' àrach òg
'N Apainn bhòidheach nan gillean;
'S beag an t-ioghn' thu dh' éirigh suas
Ann an uaisle 's an grinneas.
Air a ghille, etc.

'S meanglan thu de 'n chraoibh nach lùb,
Gur tu fiùran do chinnich—
Leathannaich nach lùb 'san streup—
'S cha 'n eil beum air a' ghille.

Falt do chin tha dualach, dlùth,
T' anail chùbhraidh, ro-mhilis;
Da shùil mheallach, chorrach, chiùin—
'S tum o run de na gillean!

Tha thu ro-mhath air an t-sliabh,
Thoir nan ian bharr na h-iteig;
Gunna dubh a leagadh fiadh

'S earbag riabhach an fhirich.

'S ann am Muile nam beann fuar
Tha mo luaidh de na gillean;
Dh' aithnichinn thu 'measg an t-sluaigh,
Leis na h-uaislean a' tighinn.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an
deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth
air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann
am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor; taghail aige
neo sgrìobh uige.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnoth uich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON.<gai>
DIOLLADAIREAN.
Sidni, C. B.

Tha sinn a cumail an aite so do
<eng>MACDONALD, HANRAHAN & CO.,<gai>
'Nuair a gheibh iad am bathar ur a stigh, bidh tuilleadh aca ri radh
ri 'n cairdean.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Òs cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

[TD 329]

[Vol. 6. No. 42. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, <eng>15 APRIL, 1898. No. 42.<gai>

ONTARIO.

Is e Ontario an roinn a's fhearr agus a's beartaiche ann an Canada. An trath a bhitheas luchd-aiteachaidh Ontario 'faotainn beim no oilbheim, is abhaist leo 'bhi ardanach agus a bhi 'g radh, gur iadsan a tha 'cumail suas na dùthcha gu leir agus a tha 'paigheadh a chuibhrionn gu fada 's modha de gach airgiod 'us riadh a tha Canada 'paigheadh airson gach obair mhor, 'us rathad-iaruinn, 'us claise dhomhainn uisge 'tha air an deanamh 's air an togail a chum gu faigh malairt na dùthcha cothrom ni 's fearr agus comhnadh a's airde, 's tearuinteachd a's modha. Gun teagamh air bith tha Ontario lan de dhaoine dichìollach, tuigseach, teoma. Tha na Gaidheil lionmhor ann an Ontario, 's is iomadh obair ghoirt agus spairn chruaidh a rinn iad ann an gearradh sios nan craobhan arda 's tiugha, agus ann an glanadh an fhearainn a chum 's gu deanadh iad fein agus an teaghlaichean aiteachadh ann agus gu tugadh iad barr reamhar as an talamh chaoimhneil, ghasda 'bhuineadh doibh agus a tha gle chumanta ann an Ontario. Bithidh daoine 'labhairt le iongantais nm dheibhinn nan cisean beartach a tha air an trusadh ann am Montreal no ann am Baile Chnoic Rioghail. A' chuid gu fada 's modha de gach malairt 'us bathar a tha 'tighinn gu Montreal, is ann an Ontario tha e faotainn margaidh 'us airgid. On tha Montreal aig ceann na mara 's gu bheil comas aig gach long mor 'us bata-smùide teachd a nis air Amhainn Lawrence gus a' bhaile ghasda so, bithidh ré gach ginealach àite mor, measail, oirdheirc aig a' bhaile so ann an surd 'us dichìoll, 'us malairt, 'us maoin, 'us tapadh Chanada. Ged tha moran Fraingich a' tuineachadh ann am Montreal, (agus da rìreadh, is e daoine lunnach, gun treoir, no duinealas, no sgairt a tha annta gu bitheanta), tha àireamh mhor de Shasunnaich, 'us Albannaich 'us Eirionnaich anns a bhaile ud, mar an ceudna. Tha iad aghartach, seolta, curamach, agus mar so tha ionmhas pailt aca, 's tha iad gle fhaoilidh le 'n airgiod ann an cuideachadh a thoirt do gach cuis 'us ni 'tha feumail, a tha maith agus a tha airidh air comhnadh agus

cairdeas. Tha MAC-TALLA 's mi fein daonnan faicilleach nach toir sinn oilbheum do charaid air bith a tha againn, mu dheibhinn luchd-riaghlaidh agus riaghlaidh na dùthcha anns gach roinn a tha 'ga deanamh suas. Bha taghadh pàrlamaid ùir againn ann an Ontario o chionn seachduinn no dha. Tha gu cinnteach, ioghnadh mor air iomadh neach gu do chaill luchd-riaghlaidh Ontario àireamh mhor de 'n ughdarras, agus gu bheil a nis am measg nan ceithir fichead 'us ceithir deug ball ann am pàrlamaid Ontario, ach beag an àireamh cheudna aig an da chuideachd anns am bheil Ontario air a roinn. Is e an Ridir Olibher Moat a tha 'nis 'n a uachdaran air Ontario, a bha ré iomadh bliadhna aig ceann luchd-riaghlaidh Ontario. Is e smior a Ghaidheil a tha ann, ged nach labhair e facal Gaidhlig. Bha e daonnan curamach, faicilleach agus seolta. Bha cuibhrionn mhor de dhaoine Ontario 'cur muinghinn laidir ann agus a' creidsinn gu robh e firinneach, onorach, agus nach deanamh e ni air bith a bha cearr no mionorach. Is e Iain Sandfield Mac Dhomhnuill a bha air ceann luchd-riaghlaidh Ontario ann an 1867, an uair a thoisich Canada le nasgadh a roinnean, air seolaidearachd dhuineil, sgairteil a dheanamh dhi fein am measg rioghachdan an t-saoghail. Is ann do Ghaidheil Ghlinne-Garaidh a bhuineadh Iain Mac Dhomhnuill, -mac duine gle bhochd a bha ann. Le 'chrudal, le 'thapadh 's le 'neart fein, dh' eirich e bho inbhe iosal gus an robh e aig aon àm 'na fhear-iùil do Chanada iochdrach 'us uachdrach, am feadh a bha 'phàrlamaid ann an Cuebec. Gus an latha 'n diugh cha robh e comasach do neach air bith air aona gnìomh a bha cearr, no mi onorach, no mi-usal a thabhairt 'n a aghaidh. Bha e curamach, neo-sporsail, agus air an aobhar so dh' fhag e uamhas airgid ann an ciste Ontario 'nuair a thainig crìoch air a riaghladh ann an Ontario. An luchd-riaghlaidh a thainig 'na dheigh tha iad daonnan ag radh gu bheil saobhreas anabarrach aig Ontario. Tha daoine geura, duineil eile 'foighneachd c'aite am bheil an t-airgid lionmhor so? C'aite an deachaidh e? Cha 'n urrainn do fhear ionmhas Ontario solus glan, dealrach a chur air a cheist so, agus air an doigh anns do sgaoileadh ionmhas mor Ontario. Is e so aon aobhar sonruichte 'thug air ar luchd-taghadh dol co calg-dhireach an aghaidh luchd-riaghlaidh Ontario. Tha na Staidean gun tamh, gun sgios, ag atharrachadh an laghannan an aghaidh Chanada. Chuir iad cis eagalach, amaideach an uiridh, air gach fiodh a bhuineas do Chanada. Tha iadsan a reir gach coslais ag innsidh na firinn an uair a tha iad ag radh gu bheil frithean luachmhor Ontario air an gearradh sios airson obair 'us maoin a thabhairt do mhuillnean sabhaidh Mhiscigain. Is ann le tuaiream ghasda 'tha daoine Ontario 'creidsinn agus a' cumail a mach gu bheil a' cheud choir aig Ontario fein, air gach cosnadh 'us malairt a thig as a frithean fein, agus nach eil coir, agus nach bi coir gu brath aig na Staidean, leis gach lagh chearr, 'us chruaidh a's aithne doibh a dheanamh, air na frithean 's air gach ni priseil 'us luachmhor eile 'tha ann an Ontario, 's a bhuineas do mhic Ontario fein. Is gle bheag a bheir na Staidean seachad ma 's urrainn doibh a ghleidheadh. Is e ceist nam frithean aobhar eile 'thug air Ontario dol an aghaidh a luchd-riaghlaidh ann an tomhas iongantach.

CONA.

Cha 'n eil atharrachadh mor air cùisean eadar na Stàitean agus an Spàinn o chionn seachdainn, ach gu bheil e sior fhàs coltach ri cogadh. Tha pàirtidh làidir anns na Stàitean a tha a reir coltais suidhichte air cogadh a thoirt air an dùthaich, ge b'e de chosgas e dhi; tha an rùintean féin aca 'san amharc, agus tha iad deònach ni sam bith a dheanamh air son an toirt gu crìch. A reir gnàths nan rioghachdan, cha'n eil còir sam bith aig na Stàitean air a dhol a chuideachadh nan Cubach, oir is iochdarain do'n Spàinn iad, agus tha còir laghail aice air an cuid ceannairc a chur fodha mar a's fhearr is urrainn dhi. Tha iadsan a tha 'g iarraidh a dhol a chogadh ag radh gur ann air son stad a chur air an dòrtadh-fala a tha iad, ach cha'n eil an sin ach lethsgheul, agus cha mhor a tha toirt creideis dhaibh. Tha an Spàinn an deigh sith a ghairm ann an Cuba, ach cha'n eil sin ach air son cothrom a thoirt dhi fhéin agus do na Stàitean air tighinn gu còrdadh. Tha na bha de mhuintir nan Stàitean ann an Cùba an deigh an t-eilean sin fhàgail. Fhuair iad òrdugh bho riaghladh nan Stàitean sin a dheanamh o chionn còrr us seachdain. Rinneadh sin air eagal gu 'm bristeadh an cogadh a mach agus gu 'm biodh iad air an cur gu bàs.

Cha 'n eil an leabhar "Clàrsach an Doire" againn aig an àm so idir, ach tha dùil againn ris an ùine ghoirid. Tha dìthis no triùir a chuir g'a iarraidh a dh' fheumas feitheamh seachdain no dha gus am faigh sinn tuilleadh de na leabhraichean.

[TD 330]

[Vol. 6. No. 42. p. 2]

GILLEASBUIG AOTROM.

LE NIALL MAC LEOID.

Bho chionn trì fichead no ceithir fichead bliadhn' air ais, mu 'n robh taighean bhoichd air an togail feadh na Gaidhealtachd, cha robh cearn no baile de 'n dùthaich anns nach robh neach-eigin a chòmhnuidh a bha dol bho 'n ainm "amadan." Bha na h-amadain sin de chaochladh gne, cuid dhiubh faoin, neo-chiontach, gun cheilg mar an leanamh beag, cuid eile dhiu borb, seolta, garg agus crosta, agus mar a thachair do gach cearn eile de 'n dùthaich, bha a chuid fhein aig Eilean-a-cheò dhiubh. Ach am measg amadain an eilean air fad dleasaidh "Gilleasbuig aotrom" an t-ionad is àirde. Bheireadh amadain eile an eilean an t-àite sin dha, agus theireadh Gilleasbuig fhein gun robh làn chòir aig air. Bha déigh mhor aig Gilleasbuig air a bhi 'n cuideachd nan uaislean, agus deigh mhor aig na h-uaislean air a bhi 'n comunn 'Illeasbuig. Cha robh cuirm no fleagh, féill no banais a b' fhiach ainmeachadh a thachair eadar da cheann an eilean nach feumadh Gilleasbuig a bhi an sin.

Air feasgar latha féille ann am Portrigh bha dinneir mhor aig uaislean an Eilean ann an àrd-thigh-òsda 'bhaile. Bha 'n latha fuar fliuch, agus bha moran de dhaoine boichd mu 'n dorus nach faigheadh a

stigh, ach 'nuair a thainig Gilleasbuig rinn e rathad dha fhein gus an d' ràinig e an seòmar anns an robh na h-uaislean cruinn. Chuir iad uile fàilte chridheil, chàirdeil air Gilleasbuig. "Co as a thainig thu mar so 'Illeasbuig?" arsa Fear a' Choire. "Mata le 'r cead a dhaoine uaisle" arsa Gilleasbuig, "thainig mi á ifruin." "Ubh, ubh, 'Illeasbuig," arsa Fear a' Choire, "'s làidir a' chainnt sin, agus de mar tha gnothuichean a dol air an aghaidh san ionad sin?" "Tha," arsa Gilleasbuig, "Fhir a' Choire, gle choltach ris mar tha gnothaichean a dol air aghaidh ann an so fein, na daoine saibhear ga 'n gabhail a steach, 's na daoine bochda ga 'n cumail a muigh."

Thachair Fear a' Choire agus Gilleasbuig ri cheile air là àraidh, Gilleasbuig agus cnaimh mhor feòla aige 'ga chriomadh, agus e 'n deigh a dheanamh gu math lom. "Cha chreid mi nach 'eil thu sgith do 'n chnaimh sin a nis 'Illeasbuig," arsa Fear a' Choire, "bu chòir dhuit a thoirt do 'n cheud chù a thachras riut," "So dhuit e mata," arsa Gilleasbuig, "tha mi creidsinn nach tachair cù cho mor riut fhein rium car latha no dhà."

Mu 'n àm an robh Gilleasbuig a làthair thainig ministear, eadar a bhi Gallda 's Gaidhealach ris an abradh iad "Maighstir Sutar" do Sgir Dhùirinish. 'Se làn sgoileir a bha 'n Sutar, fòghlumaichte ann an iomadh cànan, ach aig nach robh ach fìor dhroch Ghàidhlig. Agus na bu mhiosa na sin, tha e coltach gu 'n robh Sutar tuilleadh a's déigheil air a bhi 'n comunn Mac-na-bracha, agus ged bha Gilleasbuig mar a bha e, bha e faicinn nach robh caithe-beatha Shutair a co fhreagrach an dreuchd chudthromaich a ghabh e os laimh. Ach ciod air bith aobhar bho 'n thachair e fhuair Gilleasbuig làn cheannas air Sutar. Bha eagal anma aig Sutar roimh Ghilleasbuig. Cha robh ni dh' iarradh e air Sutar nach faigheadh e. Ach feumaidh sinn aideachadh nach robh 'Gilleasbuig còir ach anabarrach mi-thaingeil ri aghaidh gach caoimhneis agus deagh-ghean a bha Sutar a nochdadh dha. Chàineadh e Sutar gu 'bhrògan, agus 'nuair a bhiodh e sgith dhe air gach doigh eile, dh' eireadh e air le bàrdachd. Ann an aon de na rainn sin tha Gilleasbuig a toirt dhuinn cunntas air ùrnuigh Shutair:-

"Nuair theid thu do 'n chùbaid
Ni thu ùrnuigh bhios gléusda
Bidh cuid dhi na Gàidhlig
'Us pàirt dhi na Beurla;
Bidh cuid dhi na h-Eabhra
Is cuid dhi na Greugais,
'S a chuid nach tuig càch dhi
Bheir e gàir' air Fear Gheusdo."

Eadar da uair dheug agus uair 'sa mhaduinn, air oidhche ghruamach gheamhraidh, agus Sutar gu socair blàth 'na leabaidh, chual' e bualadh trom làidir aig an dorus. Dh' eirich Sutar agus chuir e 'cheann a mach air uinneag an t-seòmair, dh' eubh e "Co bha 'n sud?" Air do Ghilleasbuig a fhreagairt, "Thus," arsa Sutar, ciod e tha dhith ort mu 'n àm so dh' oidhche?" "Ciod e," arsa Gilleasbuig, "a bhiodh a dhith air neach sam bith mu 'n tràth so a dh' oidhcheach suipeir mhath agus leabhadh mhath na déigh." Bha fios aig Sutar nach

robh math cuir an aghaidh 'Illeasbuig, agus ged bu leisg b' fheudar dha eiridh agus Gilleasbuig a leigeadh a stigh. "A nis," arsa Sutar (an deigh do Ghilleasbuig a shuipeir a ghabhail), "theid thu mach agus caidlidh tu gu maduinn air lobhta an stàbuill, tha leabaidh bhlàth ghlan ann, agus bidh tu gle cheart gu latha." "Ma ta," arsa Gilleasbuig, "cha 'n fhaca mise riamh 'nuair a thigeadh caraid' a dh' amharc air duin' uasal nach rachadh agus nach sealladh e a sheòmar leabaidh dha, agus, mar sin, thig thus' am mach agus seall dhomhsa an t-àite 'sam bheil mi gu laidhe." Cha robh aig Sutar còir ach falbh a mach le Gilleasbuig. Thachair gun robh dorus an stàbuill glaiste, ach fhuair na fearaibh fàradh faisg air laimh, agus chaidh sud a shocrachadh ris an uinneig; "Suas," arsa Gilleasbuig ri Sutar, "bidh mis' as do dheigh." Ach 'nuair a fhuair Gilleasbuig Sutar as an t-sealladh a stigh air an uinneig, thog e 'm fàradh air a ghuaillinn agus dh' fhalbh e, agus e aig an àm cheudna ag ràdh, "Nis a Shutair ma tha 'n leabaidh cho math 's tha thu a gabhail ort, gabh fhein do leòr dhi gu latha, oidhche mhath leat, theid mise stigh agus gabhaidh mi 'n leabaidh ta blàth." Cha robh aig Sutar bochd ach tòiseachadh air eigheach gus an tug e mach daoine a leig á bruid e.

An ath Dhi-domhnaich chaidh Gilleasbuig do 'n eaglais a dh' éisdeacdd Shutair, agus ma chaidh cha b' ann gu sith. Shuidh e suas an staidhre ri bile na lobhta far am biodh sàr chothrom aig air a chothional fhaicinn bho bhalla gu balla. Thainig Sutar agus thòisich seirbhis an latha mar a b' àbhaist. 'Nuair thug Gilleasbuig sùil sios air feadh a chothionail, co, gu mi-shealbhach, a thachair a bhi na shuidhe dìreach fodha ach bodach mor càrn crosta a bha na fhior nàmhaid dha. 'Nunir a chunnaic Gilleasbuig am bodach chrath e a cheann agus rinn e gàire ris fein. 'Nuair a dh' eirich an cothional 'nan seasamh aig a cheud urnuigh, chuir Gilleasbuig a lamh 'na phòca agus thug e mach ubh mor tunnaig, agus thòisich e, thar bile na lobhta, air cuimssachadh air ceann a bhodaich. Mu dheireadh leig Gilleasbuig as an t-ubh, agus bhris e na smùr air sgall a bhodaich. Ma bhris "chaidh an ceòl air feadh na fìdhle," chaidh am bodach gu upraid, 's chaidh an cothional gu gàireachdaich. Chunnaic Sutar nach robh feum an cumail ni b' fhaide an latha sin agus leig e ma sgaoil iad le coire 'Illeasbuig chòir.

Beagan uin' an deigh sin thachair Sutar agus Gilleasbuig ri cheile ann an Coille an Dùin, àite fàsail, aonaranach, agus smauintich Gilleasbuig ann fein gu 'n robh an cothrom gu math air ni-eigin a chur a Sutar. Thainig Gilleasbuig air aghaidh agus chuir e 'n fhàilte chridheil, chàirdeil sin air Sutar. Ach an deigh dhaibh beagan còmhraidh a bhi aca ri cheile, "Feumaidh tu," arsa Gilleasbuig, "airgiod a thoirt dhomh a gheibh brògan, tha mi gun stiall bhròg agam. "Ma tha," arsa Sutar, "cha toir mise bròg no aodach dhuit, cha'n eil annad ach droch dhuine." "Am fear mor gun tog mise!" arsa Gilleasbuig, "ma theid do bheò no do mharbh as a bhad so gus an toir thu dhomhsa an rud a gheibh brògan" Ghabh Sutar bochd an t-eagal, thug e 'mach a leabhar-pòca, agus thug e litir do Ghilleasbuig thun a' ghreusaiche air son bhròg. "Ciod e tha 'n so," arsa Gilleasbuig. "Tha," arsa Sutar, "litir a gheibh brògan dhuit." "Co a ghabhadh do litir-sa?" arsa Gilleasbuig, "thoir dhomhs' an t-airgiod, agus cum do litir agad fein." Cha robh ann do Shutair ach an

aon ni, agus thug e an t-airgiod do Ghilleasbuig; ach 'nuair a fhuair Gilleasbuig an litir anns an dara laimh agus an t-airgiod anns an laimh eile, "Seall tu sud an nis" arsa Gilleasbuig, "gheibh an litir na brògan agus bi'dh an t-airgiod agam fhéin."

Air maduinn àraidh ann am Portrigh, ghabh Gilleasbuig cuairt rathad a chladaich. Chunnaic e bàta ann an sin a bha air tilleadh bho'n iasgach. Bha sgioba 'bhàta shuas am baile a' gabhail drama, agus cha 'n fhaca Gilleasbuig còir gnìomh a b' iomchuidhe na trosg cho math 's a chunnaic e 's a bhata ghoid. Ghabh e suas gu tigh duin' uasal a bh' anns a bhaile leis an trosg. Bhual e an clag agus co thachair a fhreagairt ach an duin' uasal fhein. "An ceannaich sibh trosg math?" arsa Gilleasbuig. "Ceannaichidh," ars' an duine, "agus taing airson fhaotainn."

[TD 331]

[Vol. 6. No. 42. p. 3]

Ciod a phris 'tha thu 'g iarraidh air?" "Tha," arsa Gilleasbuig "tasdan agus glain' uisge-bheatha." Gheibh thu sin mata," ars' an duine. 'Nuair a fhuair Gilleasbuig pàidheadh an truisg, "Nis," ars' esan, "bho nach eil a bheag agam fhein ri dheanamh, theid mi thun an uillt agus glanaidh mi dhuibh e." "Ro mhath," ars' an duine. Ach 's ann a dh' fhalbh Gilleasbuig leis an trosg agus reic e ann an seachd taighean eile e aig a phris cheudna, ach cha d' fhag e 'n trosg aig a h-aon aca, chaidh e air ais leis thun a bhàta as an do ghoid e e. 'Nuair a ràinig e an cladach bha sgioba 'bhàta ag obair air glanadh an éisg; thilg Gilleasbuig an trosg sìos nam measg agus aig an àm cheudna ag radh "Sud agaibh a ghillean còire bhur trosg agus ma phaigheas e sibhse cho math 's a phàigh e mise 's math am beathach e!"

Bha e 'na chleachdadh aig Gilleasbuig sgrìob a thoirt gu Tir-mor 'nuair a bhuaileadh e 'na cheann. Thachair dha bhi air la Sàbaid àraidh ann an Gleannseille, agus co dhiubh se spiorad math no droch spiorad a chuir na cheann dol do 'n eaglais, chaidh e ann. Ghabh e suas feadh na h-eaglais gus an d' rainig e staidhre na cùbaid, shuidh e aig bonn na staidhre gu socair stòlda, 's a bhata fodh uchd. Shaoil leis a mhinistear chòir gur ann bodhar a bha Gilleasbuig, agus 's ann a ghabh e bàigh mhor ris a choigreach a shuidh gu diblidh cho faisg air gu éisdeachd. Bha gnothuichean a dol air an aghaidh gu reidh riaghailteach car greiseig gus an d' thainig coig no sia de chiobairean le 'n cuid chon a stigh. 'Nuair a thachair na coin ri 'cheile thòisich iad air dranndan, agus bha na h-uile coltas air gun robh an aimhreit gu bhi air a bonn. Cha d' eisd Gilleasbuig an corr, ghabh e sìos 'nam measg le 'bhata, ach an aite sith a chur orra 's ann a chuir e h-uile cù 'san eaglais an claigeann a cheile. Cha robh am minister fada a caochladh a bheachd air Gilleasbuig. "B' fhearr leam," ars' am ministear ris an luchd dreuchd aige, "gu'n cuireadh sibh an duine truagh ud a mach as an eaglais." "Cha ruig iad a leas an dragh a chur orra fhein," arsa Gilleasbuig, "tha mise fada gu leòr an so agus mas e ceòl

feadaireachd tha pailteas an sud dhe do shearmon, moran 'ga ràdh 's beagan 'ga dheanamh-latha math leat fhir mo chridhe."

Ghabh Gilleasbuig a mach agus chunnaic e each bàn an ceangal ri cairt aig ceann na h-eaglais. Cha 'n fhaca Gilleasbuig gnìomh a b' iomchuidhe na 'n ròp a bha 'n crochadh ri clag na h-eaglais a cheangal ri earball an eich bhàin; chaidh e 'n sin na shineadh ann an raon arbhair a bha shìos fodh 'n eaglais gus am faiceadh e cìod a thachradh. Cha do chuir an t-each bàn car dheth fhad 's a bha e faotainn criomadh faisg air, ach 'n uair a theann e ceum no dha a mach, bhuaill an clag buille, 's thug an t-each bàn leum as; agus 'n uair a thuig e gur 'ann ris fhein a bha 'n gnothuch an ceangal, chaidh e gu ùpraid, agus, ma chaidh, thòisich an clag; cha robh buille bhuaileadh e nach toireadh crìth air an eaglais. Mu dheireadh thòisich an cothional air tighinn a mach, agus a h-uile neach a thigeadh a mach bha e fuireach a muigh, gus mu dheireadh an robh iad am muigh air fad agus am ministear air an ceann. Bha Gilleasbuig ag amharc orra le subhachas agus e làn riarraichte leis a cho-dhùnadh gus an d' thug e seirbheis an latha.

Bhiodh Gilleasbuig air a chòmhdach ann an trusgan math mar bu tric, ad àrd, deise dhubh, agus leine gheal-bha uaislean an Eilein 'ga chumail daonnan ann an aodach math; bha e mar sin ullamh air daoine do nach b' aithne e, a mhealladh, agus a thoirt orra 'chreidsinn gun robh e rud nach robh e idir. Thainig e air latha àraidh gu tigh ann an oisinn iomallach de'n dùthaich. Bhuaill e aig an dorus agus dh' eubh e co bha stigh. "Cha'n eil moran a stigh," arsa bean an taighe, "thigibh air bhur n-aghaidh." "Am bheil duine stigh ach thu fhein!" arsa Gilleasbuig. "Tha," ars' ise, "tha Iain, fear an taighe, stigh; ach tha e air a leabaidh." "Cìod e tha cur air?" arsa Gilleasbuig. "Mata," ars' ise, "cha'n eil mi fein ro chinnteach, ach tha e air a leabaidh o chionn choig bliadhna." "Tha e tuilleadh a's fad' air a leabaidh," arsa Gilleasbuig, "ach 'se lighiche a th' annamsa agus cha'n eil fios nach dean mi feum dha." "Nach mise tha taingeil" ars' a bhean bhochd, "bhur leithid a thighinn rathad an taighe." "Cha d' thainig a dheireadh ort," arsa Gilleasbuig, "cìod e th' anns a phoit sin air an teine," arsa Gilleasbuig. "Tha," ars' ise, "cearc tha mi bruich do Iain." "Cearc," arsa Gilleasbuig, "nan toireadh tu dha cearc anns an t-suidheachadh anns am bheil e an ceart uair, bhiodh e cho marbh ri sgadan agad mu'n ruitheadh ceithir uairean fichead, ach, thoir thusa dheth a chearc agus thoir dhòmhs' i, agus innsidh mi dhuit a rithist cìod a nì sinn ri Iain." 'S ann mar sin a thachair, thainig a' chearc dheth agus dh' ith Gilleasbuig air a shocair fhéin i. "Seall tu nis," arsa Gilleasbuig, "mar nì thu ri Iain. Tha bo agad a mach aig ceann an taighe agus laogh òg aice. Beir air an laogh agus dean feannadh-builg air, agus cuir seiche an laoigh air Iain, agus cuir fodh 'n bhoin e, agus mur gabh i ris cuir a h-uile cù 'sa bhaile rithe mach air na creagan." Thog a bhean bhochd a dà laimh, agus thug i an dorus oirre dh' iarraidh dhaoine; chunnaic i gu 'n robh an duine as a chiall. Ach mu 'n do thill i, thug an lighiche am monadh air. Ach an ceann latha no dha thill Gilleasbuig agus eallach air dhe gach seòrsa-ìm, càise, cearcan agus feòil. Dh' fhàg e sud aig a' chaillich air son Iain, agus cha do chuir an léigh an còrr dragh oirre.

Ach feumaidh sinn ar cead a ghabhail do Ghilleasbuig aig an àm so. Ge b' e ionad anns am bheil a chòmhnuidh tha dòchas agam gu 'm bheil e sona. Tha mi creidsinn gu'm bi iomadh latha agus linn mu 'm bi gàire subhach, sunndach luchd-àiteachaidh Eilean-a' cheò air a dhùsgadh le a leithid a rithist.

CALUM BODHAR 'S AN T-UIRCEAN.

LE FIONN.

O 'n a thuit dhuibh tighinn air Calum Bodhar, tha mi coma, ma chuideachas mo mheothair leam, ged a bheir mi dhuibh sgeul beag, aighearach mu 'n duine chòir so. Mo bheannachd leis, a chuid de Phàras dha! Ged a theirte "Calum Bodhar" ris, bha moran 's a' bheachd nach robh Calum idir cho maol 's a' chlaisteachd 's a bha e 'cumail a mach, ach gu 'n robh e cho bior-chluasach 's gu 'n cluinneadh e am feur a' cinntinn, na 'n robh fàs an fheòir 'chum a bhuannachd fhéin. Chuala mi fhéin Eòghan-nan-còrn ag radh, 's iad a bhi bruidhinn air daoine stacach, gu 'n cluinneadh Calum Bodhar cagar no mna-sìth, na'n d' thubhairt i, "an gabh thu deur, a Chalum?" Abradh iad an rud a thogaireas iad, tha 'n seanfhacal ag radh, "Cluinnidh am bodhar gleadhar an airgid," agus cha b' e h-aon no dha a dh' ionndrainn Calum bochd 'n uair a chaidh a chàradh fo 'n fhoid ann an Cnoc-Aingeal. Ach 's fheudar teannadh ri m' sgeulachd. Bha Calum fuasach pongail, curamach 'n a dhoigh, 's cho cinnteach 's gu 'm faodadh duine a chuid de 'n t-saoghal earbsa ris. Ri m' cheud chuimhne-sa, agus is fada bho 'n da latha sin, b' e Calum a b' aon ghille-gnothaich eadar Baile-nan-leac agus an t-Oban Lathurnach, a bha ma dheich mìle 'o cheile. Cha robh seachdain 's a' bhliadhna nach faicte Calum 's an Oban cho cho cinnteach 's a thigeadh maduinn Di-màirt, a mhàileid thar a ghualainn agus cuaille de bhata daraich 'na laimh. Bha muinntir an Oban cho eòlach air 's a bha iad air "Tigh Tiolam," 's cho toigheach air 's nach d' fhàg e riamh an t-Oban air feasgar Dhi-màirt gun ghloinne no dha 'n a ghoile agus sè-sgillin 'n a phòca a chasgadh iota 'n uair a ruigeadh e "Tigh-a'-Phuirt" a bha eadar e agus Baile-nan-leac. Ma bha màileid Chalum seang a ruigeachd an Obain cha 'n ann mar sin a bha i an àm fàgail, 's ann a bhiodh cruach 'us mullach orra de gach gnè bathar. Coran do Eòghan-an-Achaidh, tàirngnean do Phara-nan-sliseag, tì 'us siùcar do Mhàiri mhòr, tombaca do Dhòmhnall Og, paipear-naigheachd do 'n Mhaighstir-sgoil, agus ciad rud eile nach gabh ainmeachadh. Bha gach ni air a chur cho òrdail anns a' mhàileid 's gu 'n rachadh aige air an cuid féin a thoirt do gach neach gun iad a dh' fhaicinn ciod a bha an coimhairsnaich a faotainn, 's bha Calum "cho bodhar ri gobhar 's an fhoghar," 'n uair a dh' fheuchadh daoine ri fhaotainn a mach ciod a bh' aige 's a' mhàileid. Is tric a dh' fheuch guanagan Tigh-a'-Phuirt ri Calum a cheasnachadh 'n uair a bhiodh e a feitheamh an aisig, ach cha do chuir na fhuair iad riamh as, moran ri 'm foghlum.

Latha 'bha sud chuir Seònaid Thearlaich Oig poca le Calum anns an robh e ri uircean a thoirt dhachaidh dhi á faighir an Obain.

(Air a leantuinn air taobh 334.)

[TD 332]

[Vol. 6. No. 42. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, <eng>15 APRIL, 1898.<gai>

A LOCH AINSLIE.

FHIR-DEASACHAIDH:—Bho nach do chuir thu cùl ris a bheagan naidheachdan a chuir mi ugad roimhe tha sin a toirt deagh mhisneachd dhomh gu tuilleadh a chur ad ionnsuidh an uair so.

Bho'n a sgrìobh mi ugad roimhe chaidh crìoch a chur air an <eng>derrick;<gai> ach air oidhche na Sàbaid 'sa chaidh shéid shoirm mhor, dh' fhàilnich te de na ceanglaichean, agus thuit i air a tur mhilleadh. Tha iad a cur suas te eile, agus bidh i an aon àirde 's a bha a cheud te-ceithir fichead troigh 'sa dha.

Bha <eng>drive<gai> aig Comunn na Deasboireachd an so Di-mairt 'sa chaidh, agus ged a bha 'n latha fuar, thionndaidh moran de na daoine òga a mach le 'n cuid each 'us nigheannan. Bha ceithir sleigheachan deug ann. Chruinnich iad aig an tigh-sgoile far am b' àbhaist dhaibh coinneachadh, agus bha òraidean air an liubhairt le Aonghas Mac Aoidh, Seumas Dòmhnallach, Iain A. Mac Illeathain, Seumas Gillios, agus Iain L Mac Fhionghain; agus piobaireachd le Seumas Gillios. Am measg na cuideachd bha Mr. Hart, agus Mr. Creese á Pennsylvania, agus rinn iad òraidean briagha. A reir coltais tha an dùthaich so agus a daoine a còrdadh riu gu math. Dh' fhàg iad an tigh-sgoile aig aon uair, le 'm piob-mhor air an ceann, agus chaidh iad mu'n cuairt

air an Loch agus air ais. Tha a nis ceithir bliadhna bho'n a chaidh an Comunn a chur air chois.

Tha an deigh ann an òrdugh gle mhath an dràst, agus tha fir nan each luath a gabhail cothrim oirre. Bha réis each aca air Taobh an Ear an Loch air Di haoine 'sa chaidh. 'Se triùir a dh' fheuch-each le fear MacIlleathain á Glenville, each le fear MacAonghais a mhuinntir an àite cheudna, agus each le fear Johnson á Pictou. Se MacIlleathain a ghleidh.

Bho 'n tha mi air ruith a mach á naigheachdan bidh mi a nis a co-dhunadh le 'bhi guidhe soirbheachadh math do 'n MHAC-TALLA. Slàn leat. Is mi do charaid,

AN GILLE DONN.
Màrt 28, 1898.

LITIR BHO "C. C."

FHIR-DEASACHAIDH:—Leugh mi le mor thaitneas litir a "Chuaierteir" 's a MHAC-TALLA air an t-seachdain 'sa chaidh. Tha mi gle thoilichte 'chluinntinn gu bheil m' fhear-cinnidh agus mo charaid Aonghas Caimbeil còir fathast beò slàn. Bha toil mhor agam o chionn bhliadhnaichean dol g'a fhaicinn. Ach ged tha mi air chuairt ghoirid an Ceap Breatuinn, cha mhor gach bliadhna, cha do cheadaich ùine dhomh sin a dheanamh. B' fhearr leam gu'm b' urrainn dhomh latha 'chur seachad maille ris air an t-samhradh 's a tighinn; agus co aige tha fhios, ma bhios e-fhein 's mi-fhein air ar caomhnadh beo, nach faodadh gu'n tachradh sin. "Coinnichidh na daoine 's cha choinnich na cnuic." Cha'n ann a h-uile latha bhios cothrom aig neach a nis air aon fhaicinn a rugadh anns an ochdamh linn deug. Bu ghle though leam cuid de nithe, tha air lunn dol air di-chuimhne, fhaotainn a mach bho Aonghas Caimbeul. Bha e air son fhaighneachd dhìomsa am b' fhios dhomh an robh duine beò air an Eilean so de na thàinig a nall air a "Pholly." Cha'n fhios domh gu 'm bheil. Chaochail àireamh de dhaoine 's de mhnathan 'na fìor shean aois, bho 'n thainig mise do 'n Eilean ceithir bliadhna deug air ais, a bha 'nan leanabain a tighinn do 'n dùthaich so air a' "Pholly." Bha mi, o chionn ghoirid, a faighneachd do chaochladh fheadhainn am b' aithne dhaibh an robh duine fathast beò de na thainig a nall air an t-soitheach ainmeil ud. Cha b' fhiosrach iad gu 'n robh aon ann diu a nis. Ach ma tha fhios aig aon de leughadairean a MHIC-TALLA air neach sam bith dhiu a tha beò, tha mi 'n dòchas gu 'n toir iad fios dhuinn.

'Ur caraid,
C C.
Strathalba, E. P. I., An Giblean 2, '98

Bhitheamaid toileach, air son math ar càirdean, àite 'chur air leth anns a phaipear gach seachdain air son ceistean a chur agus a fhreagairt. Neach sam bith aig am bheil ceist ri fhaighneachd,

cuireadh e ugainn i, agus ma mheasas sinn gur ceist fhreagarrach i, cuiridh sinn 'sa phaipeir i, agus an sin bidh cothrom air a thoirt do aon sam bith a freagairt. Cha teid sinn an urras idir gu 'm bi gach ceist a theid a chur mar sin air a freagairt, oir theid aig amadan air ceist a a chur nach urrainn an duine a's glìce air an t-saoghal fhuasgladh; ach geallaidh sinn deanamh cho math 'sa bhios 'nar comas. Bu mhath leinn na ceistean a bhith de sheòrsa a bhiodh a chum fiosrachadh an luchd-leughaidh air fad.

Chaochail Cardinal Tachereau an Cuibeic, Di-màirt. Bha e 78 bliadhna a dh' aois.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty, <gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,

Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

MacCoinnich & Co.

Tha sinn an deigh stòr ùr taillearachd fhosgladh
ANN AN LOUISBURG,
agus tha sinn aig an àm cheudna a' cumail air adhart air an t-seann
laraich,
ANN AN SIDNI.

Aodaichean Matha dhe gach seorsa.
Gearradair air ur-ionnsachadh ann an Sgoil ghearraidh Mhitchell, an
New York.

Theid sinn an urras air an obair.

Mac Coinnich & Co.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 333]

[Vol. 6. No. 42. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha coinneamh cléire ann an eaglais <eng>St. Andrew's,<gai> 'sa bhaile so, Di-màirt. Bha àireamh mhath de na ministearan cruinn.

Chaidh bristeadh a stigh do àireamh thighean 'us stòraichean ann am Moncton, N. B., o chionn ghoirid, agus gus a so, cha d' fhuair a mach co tha ris. Thatar a deanamh a mach gu 'm buin na mearilich do Mhoncton fhéin.

Bhris teine mach anns an ffactori chotain ann a' Halifacs a sheachdain gus a bhòn-dé, agus rinneadh milleadh nach bu bheag leis an uisge 'ga chur as. Bha mu cheithir cheud ag obair anns an ffactoridh aig an àm, ach fhuair iad uile as gu sàbhailte.

Chaidh fear Aonghas Gillios, a mhuinntir Pisquid, E. P. I., a bhàthadh o chionn da sheachdain air ais, 's e tilleadh feasgar anmoch á <eng>Mount Stewart.<gai> Dh' fheuch e ri dhol thairis air an amhuinn air cnap deighe, agus chaill e a bheatha anns an ionnsuidh.

Aig Stanhope, E. P. I., seachdain romh 'n t-Sàbaid s'a chaidh, chaidh Mr. Lanks agus a bhean do 'n eaglais, a' fagail nighean bheag, aois thri bliadhna, agus a bràthair bu shine a stigh leotha fhéin. Ge b'e ciamar a ghreimich an teine air aodach na h-igh'ne, bha i air a losgadh cho dona 's nach robh i beò ach beagan ùine an deigh d'a parantan tigh'nn dhachaidh.

Tha sia mèinnean guail 'nan tamh ann an <eng>Wales<gai> aig aig an àm so. Tha na gualadairean a' diùltadh obrachadh, agus cha 'n eil fhios c'uin a bhios iad toileach toiseachadh a rithist. Tha da fhichead mìle duine 'nan tamh. Bha soitheach Ruiseanach air tòiseachadh air luchd a ghabhail aig aon de na mèinnean 'nuair a sguir na gualadairean a dh' obair; bha i gus an luchd a thoirt gu <eng>Port Arthur,<gai> ann an China, ach b' fheudar dhi a dhol a dh' àit eile mu 'n d' fhuair i de gual na bha dhith oirre.

Thachair ni uamhasach air an Amhuinn Mhuileich, faisg air Mabou, Di-satharna s'a chaidh. Chaidh an tigh aig Alasdair Domhnullach, (muilliar), 'na theine, agus bha dithis dhe 'n chloinn, gille aois

sheachd bliadhna, agus nighean aois cheithir bliadhna, air an losgadh gu bàs. Fhuair an nighean bu shine i fhein a shabhaladh le leum a mach troimh uinneig, ach bha i air a goirteachadh gu dona. Bha Mr Domhnullach fhein air a losgadh cho dona a' feuchainn ris a' chloinn a shàbhaladh 's gu bheil eagal gu 'n caill e a bheatha. Fhuair a bhean agus a' chuid eile dhe 'n chloinn (ceathrar) iad fhein a thearnadh. Cha do shabhaileadh sion dhe na bha 's an tigh ach an t-aodach oidhche. Tha Mr. Domhnullach agus a theaghlach gle mheasail, agus tha na h-eolaich uile anabarrach duilich air son iad a bhi air am fiosrachadh cho goirt.

Ged is mor an t-ainm a tha dhe 'n Chlondaic agus de Cholumbia Bhreatunnach, tha sgeul a thainig air an t-seachdain so ag innse nach eil an obair ach gle fhad air ais anns na ceannan sin. Neor-thaing nach eil obair ann, moran a bharrachd air na b' àbhaist a bhi ann bliadhnaichean roimhe so, ach tha uiread sluaigh air dortadh a stigh 's nach eil e comasach obair a thoirt dhaibh uile. Cha 'n eil teagamh nach eil moran òir anns a' Chlondaic, agus nach dean àireamh mhor dhaoine saoihbreas ann, ach tha e cinnteach gu 'n dean a' mhor chuid dhiubh-san a theid ann na th' aca ile chuid an t-saoghail a chosg gun dad air a shon ach anradh agus bochduinn. Cluinnear ann an so iomradh gu leor air an t-saoihbreas a nithear le cuid, ach gle bheag cunntais orra-san nach eil a' deanamh am fortain, ach a' call a' bheagain a bh' aca; ged a tha fios us cinnt gur iad gu mor a's lionmhoire.

Aig àite ris an canar <eng>St. Alexis,<gai> ann an Cuibeic, air an treas latha de 'n mhios so, mhort fear d' am b' ainm Poirier, fear d' am b' ainm Martin. Chaidh iad bhar a cheile mu mhnaoi.

Bha an t-Urr. D. Henderson, ministear na Beinne Guirme, N. S., ann an <eng>Glace Bay,<gai> seachdain romh 'n t-Sàbaid s'a chaidh, a' cuideachadh an Urr. Mr. Forbes aig a chomanachadh.

Ann an Lunnainn, an Ontario, air an t-seachdain s'a chaidh, bha fear d' am b' ainm <eng>Tuttle<gai> air a mhort le fear Emerson. Bha Tuttle 'na shealbhadair air tigh cluich, agus b'e Emerson fear de na cleasaichean a bh' aige.

Tha Ban-rìgh Bhictoria aig an àm so ann an ceann a deas na Frainge, agus tha aimsir bhath na dùthcha sin a' tighinn ri 'slainte gu math. Tha i gle mheasail air dùthaich a tha briagha gu nadurra, agus is dùthaich dhe 'n t-seorsa sin an Fhraing. Tha Morair Salisbury air chuairt anns an Fhraing cuideachd, agus a' dol gu math am feobhas.

Chuir a Bhan-rìgh àireamh de 'dealbhan fhéin dh' ionnsuidh nan saighdearan a bha air an leòn anns na h-Innsean. Tha 'dealbh ri bhi air a chrochadh anns gach seòmar anns na h-ospadail anns a' bheil iad a faotainn aire. Tha i mar an ceudna a cur chasan-meallta dhe 'n t-seòrsa 's fhearr a ghabhas faotainn g' an ionnsuidh-san a chaill an casan anns a' chogadh.

Tha na fiosan mu dheireadh a thainig ag innse gu bheil pàrlamaid nan Stàitean an deigh aontachadh gur còir do 'n dùthaich a dhol a

ghabhail pàirt nan Cubach. Tha iad ag iarraidh saorsa iomlan a thoirt do na Cubaich, agus tha iad deònach arm-mara agus tire nan Stàitean a chur g' an cuideachadh gu sin fhaotainn. Tha e coltach a reir so, nach eil an cogadh ri sheachnadh.

Rinneadh bàthadh muladach aig Allt nam Breac, am Mira, feasgar Di-luain s'a chaidh. Bha Domhnall Mac Aonghais, mac do Iain Mac Aonghais, air a bhàthadh air loch uisge a tha faisg air tigh 'athar. Chaidh e mach air an deigh a shàbhaladh coin a bha air a dhol ann an toll; bhrìst an deigh fodha, agus chaidh a bhàthadh mu 'n d' fhuair a dhol g'a chuideachadh. Chaidh a bhràthair a mach gus a chuideachadh, agus 's ann air eigin a fhuair e fhéin as le 'bheatha. Cha d' fhuair an corp gu maduinn Di-màirt. Cha robh ann ach duine gle òg, agus cuiridh a bhàs air an dòigh mhuladach so duilichinn air a chairdean 's air a luchd-eòlais air fad. Tha co-fhaireachdain againn ri 'athair agus ri 'luchd-daimh.

Iadsan a Phaigh.

Calum Gillios, <eng>Blue's Mills.<gai>
Seòras D. Mac Leòid, an Amhuinn a Tuath.
An t-Urr. D. L. Domhnallach, <eng>Brook Village.<gai>
Iain A. Domhnallach, Loch Bhlackett.
Iain C. Mac Neill, Narrows Mhora.
Iain Mac Fhionghain, Hogamah.
\$2.00
Iain A. Mac Ille-mhaoil, <eng>Claverhouse.<gai>
25c
Murchadh Mac Leòid, <eng>Valleyfield,<gai> E. P. I.
Calum Mac Leoid, <eng>Valleyfield,<gai> E. P. I. 25c
Aonghas Mac Neacail, <eng>Elliot's,<gai> E. P. I.
Antoni Buchanan, na h-Eileanan Coille.
Coinneach Mac Gillfhinnein, Dunbheagain, Ont.
Dr. D. Mac Dhiarmaid, <eng>Maxville, Ont.<gai>
Eoghan Mac Eoghain, <eng>Maxville, Ont.<gai>
Iain Mac Dhunleibhe, Dun Uilleam, Ont.
Sadie Nic-a-Bhiocair, <eng>Ware Mass.<gai>
Donnachadh Mac Dhunléibhe, <eng>Portsmouth, Ohio.<gai>

BAS.

Ann an <eng>New Harris,<gai> air an 18mh latha de 'n Mhàrt, Flòiri B. Bhain, nighean òg le Domhnall Bain, aois choig bliadhna 's da mhios. Bha i òg, gealltannach, fo dheagh chliù agus measail aig na h-uile bha timchioll an àite so. Ach thubhairt Iosa:—"Fulingibh do na leanabaibh, agus na bacaibh dhaibh teachd am ionnsuidh, oir is ann d' an leithidibh sin a ta rioghachd Neimh.

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu
Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-

taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle
thoileach a shealltuinn.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaisg air laimh. Ma tha thu air son
Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige
math 's bidh, iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B

[TD 334]

[Vol. 6. No. 42. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 331.)

Rainig Calum an t-Oban, cheannaich e 'n t-uircean, chuir e anns a'
phoca e, agus dh' fhàg e 'm poca 's na bh' ann an Tigh Tiolam, feadh
's a bha e ceannach nan gnothaichean eile a bha ri dol 's a'
mhàileid. Mu 'n àm ghnàthaichte thog Calum air, a' mhàileid air an
darna gualainn 's am poca anns an robh an t-uircean air a ghualainn
eile. 'N uair a rainig e Tigh-a'-Phuirt bha bàta-'n-aisig air an
taobh eile 's chaidh e 'stigh a leigeil analach, a' fàgail a' phoca
anns an robh an t-uircean taobh an doruis. Mar a bha 'n t-olc ann an

guanagan Tigh-a'-Phuirt, de rinn iad ach gu 'n tug iad an t-uircean as a phoca, agus gu 'n do chàraich iad cat mor, dubh 'n a àite. Thainig am bàta, thog Calum am poca air a mhuin, mhothaich e mar a shaoil leasan an t-uircean a' sporathiail, agus bha an duine bochd cho bodhar nach robh e 'cluinntinn mialaich a' chait. Mu bheul an fheasgair, chunnaic Seònaid Thearlaich Oig, Calum a' teannadh ris an tigh, 's chuir i an fhàilte so air, "An d' thainig thu 'Chaluim a laochain?" "'S mi a thainig," arsa Calum "Thig a stigh," arsa Seònaid, "tha mi làn chinnteach gu 'n d' rinn thu do ghnòthuch gu pongail." "Moire! 's mi rinn," arsa Calum, "fhuair mi uircean beag, bàn, cho boidheach 's a chaidh riamh ann am poca—cha robh a leithid eile air an fhaighir." Le so a radh dh' fhosgail Calum beul a' phoca, 's mu 'n abradh tu seachd, leum cat mor, dubh, a mach as a' phoca 's chaidh e as an t-sealladh fo 'n leaba ann an prioba na sùla. "Ni Maith 'g ar dion!" arsa Seònaid, "tha 'n Donus anns a' mhuic." "Cha b'e cheud uair a bha," arsa Calum, 's e toirt breab do 'n phoca. "A bheil thu cinnteach gur e uircean a cheannaich thu?" arsa Seònaid, 's i air chrith leis an eagal a fhuair i. "Moire, 's mi a tha!" arsa Calum, "agus tha fhios agam a nis ciamar a thachair an gnothach. Cuiridh mi geall gur iad na seòid a bha 'n 'Tigh Tiolam' a chuir an cat anns a' phoca 's a ghleidh an t-uircean." "Nach bu pheacach dhoibh a leithid a dheanadh," arsa Seònaid. "Cha d' thugainn bonn-a-h-ochd air a' pheacadh," arsa Calum, "na 'n d' fhàg iad agam an t-uircean; agus thusa, a mhic an fhir ud"—'s e toirt daoi-leum a bheireachd air a' chat a bha nis an deigh tighinn a mach fo 'n leaba,—"theid thu air ais anns a' phoca so gu maduinn am màireach agus bheir mise an sin thu do 'n tigh ainmeil sin as an d' thainig thu,—'Tigh Tiolam;' nach ann agam a bha 'n droch obair do ghiùlan cho fada 's cho cùramach." An ath mhaduinn rinn Calum moch-éiridh mhor, 's bha e fhéin 's an cat dubh air an rathad do 'n Oban mu 'n do bhlas an t-eun an t-uisge. Cha do thachair anail bheo air gus an do ruig e Tigh-a'-Phuirt. Ged a bha cabhag air Calum cha deanadh ni feum le Ailein Tigh-a'-Phuirt ach gu 'n tigeadh e stigh 's gu 'n innseadh e dhoibh an cleas a chaidh a dheanadh air 's an Oban. 'N uair a bha Calum bochd ag aithris a sgeòil, chaidh Màiri Ruadh agus sgioblaich i leatha do 'n t-sabhull, am poca anns an robh an cat dubh, a chaidh fhàgail eadar an da dhorus, agus chuir i uircean Sheònaid Thearlaich Oig anns a' phoca. Bha h-uile h-aon a' toirt barr air a chéile, agus Màiri Ruadh a' toirt barr air na h-uile, ann a bhi gabhail truas do Chalum agus a càineadh nan abhaistearan a bha taghal "Tigh Tiolam."

Chuir Calum am poca aon uair eile thar a ghualainn, ghabh e 'n rathad cùil 's cha do leig e anail gus an d' rainig e "Tigh Tiolam." "Sin agad do chat," ars esan, 's e toirt urchair do 'n phoca gu taobh eile an tighe. Thug an t-uircean bochd sgiamh cruaidh as, a chualadh Calum e fhéin, bodhar 's mar a bha e, 's cha robh fhios aige air uile beatha 'n t-saoghail ciod a theireadh no a dheanadh e. Ghlaodh e mu dheireadh 's e air chrith air a chasan,—"Tha 'n Donus anns a' phoca; bha e 'n riochd uircean an dé, an riochd cait an raoir, agus Ni Maith 'g ar teannadh! tha e 'n a uircean an diugh a rithist." Shaol "Tiolam" gu 'n robh Calum an deigh a chiall a chall, agus chuir i fios gun dail air an Doctair Bhàn a bha gle eòlach air Calum Bodhar. Thàinig an Doctair an deannadh-nam-bonn 's chuir e 'n

fhàilte so air Calum, “Dé so ’ille, an deachaidh tu dhachaidh an raoir idir?” “’S mi a chaidh,” arsa Calum, “’s cha b’ ann do m’ thoil a thill mi ’n diugh.” Dh’ aithris e ’n so gu réidh, ciallach gach ni mar a thachair, ach aig crìoch a sgeòil cha robh an Doctair Bàn no “Tiolam” na bu ghlioca na bha iad roimhe. Cha robh fhios dé dheanta, bha Calum cho purpail, pongail ’s a bha e riamh, ach cha robh ’s an Oban na bheireadh air an t-uircean a ghiulan a rithist. ’S e ’thainig as gu ’n d’ fheum “Tiolam” mac a peathar a chuir air ais le Calum agus an t-uircean. Bhoidich Calum an latha sin nach rachadh uircean air a dhruim gu brath tuille, agus ghleidh e a bhòid gu latha a bhàis. Ged a lean Calum air taghal ann an Tigh-a’-Phuirt, cha robh a’ chridh’ aca aideachadh gur i Màiri Ruadh a thug an t-uircean as a’ phoca. Phòs Màiri Ruadh fear Dhoire-na-Cuthaige ’s cha deachaidh Calum Bodhar riamh an rathad nach do thaghal e aig Màiri, agus ’s iomadh làn beòil math a fhuair e uaipè. Rainig Calum aois mhor, bha e ’streap ri deich ’us-ceithir-fichead mu ’n do chaochail e, ach dh’ fhalbh e ’s bu laghach e, shiubhail e ’s bu chiùin e.

TRATHAN NA BLIADHNA.

(Air a leantuinn.)

Ach anns an fhogharadh ged tha broilleach na talmhainn sgeadaichte le culaidh riomhach, lurach, tha sanas air a thoirt seachad nach eil an uine ach garr gus an caill an snuadh dreachmhor so a shnasmhorachd. Tha na craobhan a’ crathadh na duilleagan gorma, ’s tha barr an fheoir a’ seargadh; oir tha ’n geamhradh fuar a’ tighinn gun moille ’dheanadh. Is e so an trath de ’n bhliadhna anns a bheil dubhachas sgriobhta air aghaidh naduir. Tha maise nam beann ’s nan comhnardan air falbh. Tha na sruthan brasa fuaimneach air an cuibhreachadh le geimhlean cruaidh. Gidheadh tha ailleachd ’us eifeachd aig a gheamhradh; oir nach e ’n Dia a tha mor ’us glic, ’us tuigseach a rinn an samhradh agus a rinn an geamhradh mar an ceudna?

Rinn thu an samhradh. Tha sinn mar so a’ tuigsinn gur ann bho Dhia, a mhain, a tha sonas ’us soirbheachadh a sruthadh. Is Esan a dheasaich solus agus grian agus a shuidhich uile chriochan na talmhainn. Thug Dia dhuinn buadhan inntinn leis am faod sinn toileachas nach ’eil gann no faoin fhaotainn bho na seallaidhean gasda, ciatach leis a’ bheil an saoghal comhdaichte. Tha gliocas mor r’a fhaicinn leinn ann an trathan na bliadhna; oir nam bitheadh an geamhradh daonnan ann le ’ghaothan iargalta dh’ fhasamaid sgith, airsneulach, agus bhitheadh ar comas air sonas saoghalta fhaireachdainn ’s a mhealltainn gu h-anabarrach air a lughdachadh. Tha againn ann an so fein dearbhadh laidir air cia co grasmhor, glic ’us cothromach ’sa dh’ordaich Dia gach ni. Rinn Dia an samhradh. Is e so an raidh anns a bheil tlus, ’us blaths ’us aghmhorachd a’ deanadh aghaidh naduir suilbhir, aighearach ’us tlachdmhor ann an tomhas sonraichte. Tha sunnd, ’us gean, ’us subhachas a’ lionadh an t-saoghail gu leir. Cha ’n ’eil e comasach do neach air bith, ged dh’ fhaodas e bhi air a chradh le trioblaid no le euslaint, gun agh, ’us tlachd, ’us faochadh a thrusadh bho lionmhorachd nam beus agus nam feart a bhuineas do ’n t-samhradh. Tha ’ghrian anns an iarmailt

shuas gun sgios a' dortadh a nuas a gath annan priseil agus a' giulan aiteis do gach raon 'us ard-bheann. Tha 'n cuan mor, farsuing, luasganach, gun ghruaim, gun stoirm. Tha 'thoirman, a stri 's a bheucaich a nis aig fois. Tha sobhraichean agus neonainean maiseach agus lionmhor anns na h-achaidhean. Tha 'm fraoch gaganach, badanach a' sgeadachadh mullach nam beann le culaidh riomhach, agus a' crathadh a chinn 's a cromadh ann an osaig chiuin an anmoich a' deanadh gairdeachais do bhrìgh gu bheil e fein co boidheach, co anabarrach boidheach. Tha gach faillean no fluran ùrail, dosrach; agus tha 'n òg-mhadainn, mar an ceudna, boillsgeanta le driuchd a tha 'dearrsadh ann an solus òg na gréine. Co a ghabhas beachd air an t-sealladh riomhach so nach aidich le ioghnadh gné a Dia a rinn an samhradh.

RENA.

Bean Mhic Dhonuill.—“Ciod e bu mhotha chuir a dh' ioghnadh ort, an uair a bha thu am Paris?” Bean Iain Shiubhlaich.—“Ubh! ubh! B' urrainn do 'n neach a b' òige 'chunnaic mi Fraingis a' labhairt. An rud a's mhiorbhuiltiche chunnaic mo dha shùil riamh.

[TD 335]

[Vol. 6. No. 42. p. 7]

AONGHAS AGUS AN TARBH.

Tha Aonghas am beachd ma chi aon dhe na coimhearsnaich beothach no ni sam bith eile 'tha e 'reic no 'cur gu margadh, gum bi e dholaidh, no mar a their e fhein, air a ghonadh. Bha tarbh aige ri chur gu margadh bho chionn ghoirid, agus air eagal duine 'ga fhaicinn dh' fhalbh e leis air feadh na h-oidhche. An dùil gu 'n deanadh e gnothuch sàmhach dheth leig e 'n tarbh a mach as an t-sabhal agus thòisich e ri iomain roimhe 's “uis, uis,” aige ris. Dh' fhalbh am beothach bochd gu h-aotrom uallach, agus dùil aige gur ann a dol air cheilidh gu sabhal dhe na coimhearsnaich a bha e mar is minig a chaidh e. Bha Aongha deanamh co-ghàirdeachas ris fhein air son cho sàmhach 's a bha e faighinn air aghart, 'nuair a mhothaich an tarbh do'n chiad shabhal a bh' air an t-slighe, agus air dha gun toil a bhi aige falbh gun <eng>farewell<gai> fhàgail aig a dheagh choimhearsnaich, air neo a bhi 'n dùil gu'n robh e aig a cheann-uidhe, leig e bural as a shaoileadh sibh a sgoilteadh na creagan. Ma leig, fhreagair na beanntan air gach taobh mar gu'n spreathadh iad bho mhullach gu bonn. Shaoil leis an ainmhaidh bhochd gur e tairbh eile 'fhreagair e, agus 'ga chur fhein ann an òrdugh catha leig e 'n ath langan as, na bu mhotha, na 'n gabhadh e 'bhith, na a chiad fhear, agus m'a leig fhreagair na beanntan a rithist leis an dara spreathadh, agus thòisich an ùpraid da rìreabh—an tarbh a langanaich, na beanntan 'ga fhreagairt, agus gus an gnothach a chrùnadh thòisich coin air comhartaich. Bha Aonghas a fiachain ris an tarbh a chiallachadh, ach 's ann an sin bu mhiosa bha e dol. Bha Seumas air chéilidh an tigh coimhearsnaich agus 'nuair a chual' e 'n

fhuaim a bh' ann shaoil leis gur ann a dh' fhuasgail te dhe'n chrodh aige fhein 'san t-sabhal, agus leig e as cho luath 's a bheireadh a chasan e dhachaidh. 'Nuair a ràinig e fhuair e 'bhean agus an gille 'nan làn éideadh gufalbh as an tigh agus iad a caoineadh. "De th' oirbh?" deir e. Thuirt iad gu 'n robh beuchdail eagallach timchioll an tighe agus gu'n robh iad a dol a theicheadh, oir gu 'n robh egal orra gur e an droch-fhear a bh' ann. "Ach dh' fhalbh an rud a bh' ann," deir iad. Dh' fhalbh Seumas an rathad a bha 'n ùpraid a dol air aghart. Bha feadhain 'ga choinneachadh agus feadhain a breith air, 's iad uil' ann an iomcheist agus 'nan ruith an rathad a bha 'n fhuaim fiach de bha ceàrr. Mu dheireadh thainig iad suas ri Aonghas agus ris an tarbh agus mu dhusan gu leth cù a tathunn ris. Thuig iad an sin ro-mhath de bu chiall do'n chùis. Bha e farsuinn gu leòr an lath'-iar-na-mhàireach gu 'n do reic Aonghas an tarbh ruadh. Sin gaibh facal air an fhacal mar a chaidh innse do 'n

GHILLE GHLAS.

Tha toiseach an t-samhraidh 'na dheagh àm gu tòiseachadh air gabhail MHIC-TALLA.

Tha riaghladh Newfoundland an deigh coig mìle dolair a chur air leth air son cuideachadh le bantraichean agus dilleachdain nan daoine a chaidh a chall o chionn ghoirid ag iasgach nan ron. Tha an sluagh mar an ceudna a' cur moran airgeid cruinn dhaibh.

Am bheil thu pàigheadh air son a phaipeir? Mur eil, bu chòir dhut nàire bhi ort.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann am baile Halifax tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige

neo sgrìobh uige.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son a phris ainmichte.

Sgrìobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.

SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,

Fear-tagraidh. Comhairliche

Notair, &c.

Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia

Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>

SIDNI, - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>

Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.

SIDNI, C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBASA

aig daoine ann am maidsichean Eddy—'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>—THE—

E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 336]

[Vol. 6. No. 42. p. 8]

Blar Allt-a'-Bhonnaich.

LE IAIN MAC FHAIDEIN.

(Air a leantuinn.)

Mar reul 'san oidhch' a' boillsg' le aiteal
Tha Dùghlasach nan iomadh baiteal,
Gach uair tha 'lann tighinn thar a ghuaille
Bàs 'sa h-uile h-àite 'm buail e.
Thug gach gàirdean sathadh guineach
'S dioghaltas iomadh tàir 's gach buille.
An neach bh' air làr a' call an deò
Ag éibh ri cach, "Na géillibh beò,"—
Nach uamhasach bhi 'liodairt slòigh!
Cuin 'gheibh sinn sith air caochladh dòigh?
Ach ghairm an Rìgh na suinn a thagh e
Gus a' bhàrr a chur a thaghal.
'Nan éideadh dathach gorm 'us ruadh
Ghluais na fineachan o thuath;
Mar choin-sheilg de 'n tilgteadh 'n iall
Leum Eileanaich na h-airde-'n-iar
Fo Aonghas Og, 'thug trian de 'n là
'Us pian an diomhanais 'ga chràdh.
Thog e 'lamh 'us shin e 'lann,
'Ga chur tri chuir mu 'n cuairt d' a cheann,
Neo-òraideach am briathran gann
B'i ghairm gu cath, "A nis mo chlann."
Thog feachd an ìslich iolach ùr
'N uair mhothaich iad an taic ri 'n cùl.
Is luath air fonn 's cha mhall gu astar
An calpa cruinn mu 'n danns' am breacan;
'S mar spreaghadh dealain as na neòil
Tha ainm a churaidh 'seirm o'm beòil;
Toirm gach gairm-chath 'measg a chéil'
Mar thàirneanach á aird nan speur.

'Us faobhar lannan shiol nam Fiann
A' toirt mac-tall' a bàrr nan sliabh.
Dh' ath-bheothaichheadh as ùr am feachd
Mar dhoineann 'dublachadh 'na neart;
Mar ioma-ghaoth obann gaillinn chruaidh
'S i meisdeireadh gu onfhadh cuain;
Slabhraidh daorsa 'us droch reachd
A sgealbh 's a sgàineadh dol ma seach;
'Us Saorsa 'seinn o bheinn gu tràigh
Le iolach uasal, uaibhreach, ard.
Chreanaich cridhe 'n naimh roimh 'n fhuaim
'S gach buille bhàis a fhras mu 'n cuairt;
Bhris iad air gach taobh 'us ghéill,
A' fagail ionmhais 's airm 'nan déigh;
'S a' cur nan spuir as ùr ri 'n siubhal
Bhrùchd am pràbar leis a' bhruthach.

Bu mhear gu tuath 's bu luath gu deas,
A' cur na réis mar spréidh air theas,
Mar ghreidh thar sliabh, 's an fhaoghail bras,
Gun earbs' á ni ach luaths an cas;
Mar chearcan tomain thar an stùc,
'Us fuaim na lamhach taobh an cùil;
Mar mhaighich 'a gadhar teann 'ga ruaig
'S i 'maolachadh gu druim a cluais;
Mar ghreasas sionnach sgith 'na leum,
'Us deileann madaidh as a dhéigh;
Mar sgàirneach bearraich leis a' ghleann,
A dh' fhuasgail aiteamh as an stall;
Mar thuill nam meall troimh isleach chluain,
'S na uillt le ràn 'cur thar am bruach.
Tha sgeul ri inns aig crìoch gach cogaidh,
'S dhùin an oidhch' air Allt-a'-bhonnaich.

Air a' Ghille tha mo Run.

SEISD.

Air a' ghille tha mo rùn,
Tha mo rùn air a' ghille;
Bho 'n a thug thu rium do chùl,
B' e mo dhùrachd thu thilleadh.

'S ann a fhuair thu d' arach òg
'N Apainn bhòidheach nan gilleann;
'S beag an t ioghn' thu dh' eirigh suas
Ann an uaisle 's an grinneas.

'S meanglan thu d' an chraobh nach lùb,
Gur tu fiuran do chinnich;
Leathanaich nach lùb 's an streup,
'S cha 'n eil beum air a' ghille.

Falt do chinn tha dualach, dlùth,
D' anail cùbhraidh, ro-mhilis;
Da shùil mheallach, chorrach, chiùin,
'S tu mo rùn de na gillean.

'S ro-mhath thig sud do mo rùn,
Boineid dù-ghorm a's iteag;
Feileadh preasach nam ball dlùth,
Claidheamh-cùil agus biodag.

Tha thu ro-mhath air an t-sliabh,
Thoirt nan eun bharr na h-iteig;
Gunna dubh a leagadh fiadh,
'S earbag riabhach an fhirich.

'Nuair a rachadh tu 'n tigh-òsd',
'S tu nach soradh an gini;
Bhiodh na botail air a bhord,
Cach ga 'n òl 's thu ga 'n sireadh.

'S ann am Muile nam beann fuar,
Tha mo luaidh de na gillean;
Dh' aithnichinn thu 'measg an t-sluaigh,
Leis na h-uaislean a' tighinn.

Feasgar Nollaig 'dol gu bal,
Loisg a's chraidh sud mo chridhe;
Gach fear le nionag aig' air lamh,
'S fear mo ghraidh-sa gun tilleadh.

'S de ma theid thu do 'n taobh tuath,
Gu 'm bu luath ni thu tilleadh;
Tha na nionagan an gruaim,
Bho nach d' fhuair iad an gille.

Gu bheil m' inntinn-sa cho trom,
Ri luing mhor air bheag sgiobaidh;
Bho 'n a dh' fhalbh an gille donn.
'Thogadh fonn air mo chridhe.

Their mo mhathair rium gach uair,
"Eirich suas 's tog do mhisneach;
Ged tha 'n gille fada uait,
Cha bhi gruaim air 'nuair 'thig e."

'S tric mo shuil thar a' chuain,
Feuch de 'n taobh ni thu tighinn;
'S ged a chi mi gillean òg,
Cha tog bron air bharr mo chridhe.

'Sann am Muile nam beann ard,
Tha mo ghradh de na gillean;
'S ged nach d'thug thu dhomh do lamh,
Do dheoch-slaichte cha tillinn.

Air a ghille, etc.

Chaidh an t-òran so a chur ugainn le Mr. Donnachadh Mac Dhunléibhe, fear-lagha, a Portsmouth, an Ohio. Bha cuid de na ceathrannan anns an àireamh mu dheireadh, ach tha sinn a' clò-bhualadh an iomlain air an t-seachdain so. Tha sinn fada 'n comain Mhic Dhunléibhe.

Tha iadsan a tha 'cladhach air son na h-olla aig Loch Ainslie an deigh fiach àireamh mhiltean dolair de dh' uidheaman a thoirt do 'n àite.

AITE COBHAIR.

Labhair an t-Urr. <eng>T. C Mellor, Rural Dean, Christ's Church Rectory, Guysboro, N. S.,<gai> mu K. D. C. o chionn ghoirid anns na briathran a leanas: "Tha mi gle thoilichte bhi comasach air teisteannas a thoirt mu luach K. D. C. airson cion-cnamhaidh. Bha mi fulang le droch stamaig ach leighis K. D. C. mi. 'Nuair a dh' fhairicheas mi e tuilleadh rium, gabhaidh mi K. D. C. agus leighsidh e mi gun dail. Molaidh mi K. D. C. ge b'e àite 'n teid mi."

An urrainnear dearbhadh a's fhearr na so iarraidh. Tha sinn ag radh gur e K. D. C. an leigheas a's fhearr a th' ann air cion-cnamhaidh. Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air tinneasan-cuim, agus ma ghabhar iad comhla ri K. D. C. leighsidh iad teanntachd.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai> air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON.<gai>
DIOLLADAIREAN.
Sidni, C. B.

Tha sinn a cumail an aite so do <eng>MACDONALD, HANRAHAN & CO.,<gai> 'Nuair a gheibh iad am bathar ur a stigh, bidh tuilleadh aca ri radh ri 'n cairdean.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean, Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

[TD 337]

[Vol. 6. No. 43. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, <eng>22 APRIL, 1898. No. 43.<gai>

AM BI COGADH ANN?

Is e so 'cheist chudthromach a tha mile duine 'foighneachd aig an àm so. Gun teagamh tha neoil bhagrach, dhuaichnidh a' comhdachadh an duigh, cearna no dha de 'n t-saoghal. Tha na Cubanaich fathast ann an staid neo-shuidhichte, luasganach, mi-chiatach. Tha iad gle eolach air aramach a dheanadh, oir rinn iad iomadh oidheirp air ughdarras nan Spàinnteach a thilginn air falbh, agus an saorsa riaghlaidh fhaotainn no a chosnadh doibh fein. Is e so eachdraidh nan Cubanach: gur e daoine breun, iargalta, ceannairceach a tha annta, 's gu bheil e duilich an cumail ann an seasgaireachd. Tha fuil nan daoine geala 's nan daoine dubha 's nan Innseanach ann an cuislean nan Cubanach. Is e da rìreadh, eilean laghach, beartach, torach a tha ann an Cuba. Tha 'n siùcar agus an tombaca 's fhèrr a' cinntinn anns an eilean so. Tha uine mhor a nis on thoisich an t-aramach mu dheireadh ann an Cuba. Ged bha, agus ged tha, feachd lionmhor aig na Spàinntich ann an Cuba, -oir is ann doibhsan a bhuineas an t-eilean, -cha chuala mi fhathast gu do ghleachd iad aon bhlar gaisgeil, no gu d' fhuair iad aon bhuidh air na Cubanaich 's air an aramach. O cheann uine ghoirid chaidh aon de longan-cogaidh nan Staidean, am Maine, 'chur as a cheile ann an doigh chianail, thrioblaideach. Bha i aig Habhana, aon de bhailtean Chuba. Air feasgar la sonruichte 'nuair a bha gach seoladair 'na luidhe no 'na chadal, chaidh an long as a cheile. Bhrisd teine eagalach a mach, agus chaidh da cheud agus trì fichead seoladair a losgadh no 'mharbhadh. Is e da rìreadh, tuiteamas muladach, basmhor a thachair do 'n Mhaine. Tha, agus bithidh, iomadh teaghlach anns na Stàidean bronach gu leoir, do bhrìgh gu do chaill caraaid caomh a bheatha, gun iochd no forbhais, an uair a chaidh an long-cogaidh Maine 'losgadh agus a sgrios. Mar bha iomchuidh, chaidh ceasnachadh a dheanamh air an aobhar 'us air an doigh anns an deachaidh am Maine a mhilleadh gu buileach. Tha na Stàidean a' creidsinn gur ann bho 'n taobh a muigh a thainig an t-olc no 'n cumhachd mosach, aingidh a sgrios an long eireachdail, agus a chuir gu bàs tiamhaidh, iomadh ceatharnach

gaisgeil, gasda. Tha na Spainntich a' cumail a mach gur ann 'na cridhe fein a bha 'n teine uamhasach a loisg an long agus a mharbh àireamh mhuladach de 'saighdearan 'us de 'seolaidearan. Tha, gun teagamh, gach long-cogaidh a' giulan iomadh ni loisgeach air am bi feum aice ann an latha na comhstri an aghaidh naimhdean a dùthcha. Cha chreid MAC-TALLA no mi fein gur robh iarrtus air bith aig uachdaran na Spàinne air gnìomh co aingidh, bruideil a dheanamh. Cha 'n urrainn e 'bhith gu robh iad co amaideach, eu-ceilidh, an-ìochdmhor 's gu cuireadh iad crìoch eagalach air a' Mhaine 's air a seolaidearan am feadh a bha i fein 'us na Staidean ann an sith 's ann an seasgaireachd le cheile. Tha dochas laidir aig gach neach a tha truacanta, dìreach, caoimhneil, gu faic an saoghal gu leir ann an uine ghearr, dearbhadh dìongmhalta, soilleir, nach robh coire air bith aig na Spainntich airson an tubaist mhuladaich, udlaidh a thachair do 'n long-chogaidh, am Maine. Tha moran ann am Pàrlamaid nan Stàidean a tha gun gliocas, gun tuaiream a' glaodhach a mach gu feum na Staidean air ball, le deifir anabarrach, agus, gun moille air bith a dheanamh, toiseachadh air cogadh geur, fuileachdach an aghaidh nan Spàinnteach agus airson saorsa 'fhaotainn le faobhar a' chlàidheimh do na Cubanaich. Aidichidh gach duine gu tainig an t-àm anns an coir crìoch a chur air gach aimhreit 'us aramach ann an Cuba. Tha na Cubanaich a' fuiling ocrais 'us iomadh deuchainn eile; 'us tha na h-achaidhean 'us na comhnardan aca 'fàs gun bhrìgh, gun fheur, gun fhochann, gun ciribh mhìlis shiùcair, no lus fhallainn thombaca. Nochdaidh na Stàidean caoimhneas sonruichte do na Cubanaich, ma ni sith eadar na Spàinntich agus iadsan. Feumar an fhirinn innseadh, gur e daoine borba, iargalta 'tha anns na Cubanaich iad fein; agus ged gheibheadh iad an saorsa am maireach, cha deanadh iad ach buil gle bhochd dheth. Is e Breatunn, agus Breatunn a mhain, a tha comasach air Cuba 'riaghladh agus air laghannan cearta, seasmhach a chur an gnìomh anns an eilean ud. Tha Mac Fhionnlaidh, Ceann-suidhe nan Stàidean, a nochdadh moran tuigse, 's gliocais, 'us foighidinn aig an àm so. Tha e soilleir gu bheil meas mor aige air sith 'us cairdeas am measg nan rioghachdan. Ma dh'fhaoidte, mun teid an litir so 'chlo-bhualadh, gu tig crìoch air gach ceist 'us dragh a tha eadar an Spàinn agus na Stàidean. Tha cogadh ri bhith air a sheachnadh, oir bheir e leis call, aimhreit, losgadh, 'us milleadh, 'us tuir, 'us fearg, 'us naimhdeas bruideil, eucorach. Is e boirionnach gleusda, tuigseach, tapaidh a tha anns a' bhantrach, Bàn-rìgh na Spàinne. Chaochail an rìgh ris an robh i posda ann an tus a laithean, oir bha e breoite, euslainteach. Nam bitheadh saoghal fada aige thogadh e an Spàinn gu h-inbhe ard, urramach 'us cumhachdach am measg rioghachdan na talmhainn; oir bha e teoma, glic, eudmhor, gaisgeil agus firinneach. Is ro-mhaith a fhuaradh a' bhantrach gus an àm so, oir chum i sìos gach trioblaid 'us aramach anns an Spàinn, agus tha i 'g altrum an rìgh oig gu curamach, uasal, ceart. Cha 'n eil ioghnadh air bith, mata, gu bheil i deonach gu bhith gach eilean 'us aite eile 'bhuineas do 'n Spàinn ann an cearna air bith de 'n t-saoghal, air an dìon 's air an gleidheadh do 'n oighre òg, a mac fein. Tha dochas laidir aig MAC-TALLA 's agam fein, gu faigh an Spàinn agus Cuba doigh air sith fhaotainn, a bhithneas taitneach doibh le cheile.

CONA.

URSGEUL POLACH <eng>(POLISH.)<gai>

Bha seann duine agus a bhean a' bruidhinn ri chéile agus a' cur an céill an uiread gràidh agus a bha aca d'a chéile.

"Tha an uiread gràidh agam dhuit," ars' an duine, "agus nam bàsaicheadh tu, nach bitheadh moran saoghail agam 'nad dheigh."

"Agus 'nam bàsaicheadh tusa," ars a' bhean, "cha mhairinn uair an deigh dhuit siubhal."

Agus ghlaodh iad á beul a chéile, "Gu 'n ceadaicheadh Ni-Math dhomh caochladh romhad."

Gu h-obann, agus gun rabhadh, thainig buille anns an dorus. B' e an t-Aog a bha ann, ag iarraidh a stigh.

"Droch sgiormam air a' chùis," ars am fear, "Cha leig an cràdh a tha 'nam lurgnean leam gluasad ceum; rach thusa a dh' fhaicinn ciod e tha bhuaithe."

"Cha leig an lòinidh leam coiseachd; rach fhéin a dh' fhosgladh an doruis."

Ach sgithich an t-Aog a' feitheamh, agus sguab e iad maraon leis.

"Innis dhomh, a Sheumais, co chuidich thu anns an sgrìobhadh so?"

"Cha do chuidich fear sam bith leam, le ur cead, a mhaighstir."

"Bu mhath leam gu'n innseadh tu an fhirinn domh. Nach e do bhràthair a chuidich thu?"

"Cha'n e, le ur cead. Sgrìobh e a h-uile facal dheth e fein."

[TD 338]

[Vol. 6. No. 43. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR.

CAIB. XIII

An la-iar-na-mhaireach thainig na h-aoidhean air ais do'n tigh aig Sindbad a chum gu 'n cluinneadh iad mar a thachair dha air an t-seachdamh turus a dh' fhalbh e 'sheòladh. Ghabh iud an dinnear mar a b' àbhaist dhaibh, agus an uair a bha i seachad, thoisich Sindbad ri innseadh a naigheachd mar a leanas:—

An uair a thill mi dhachaidh bhar an t-siathamh turuis, leig mi as mo cheann buileach glan falbh o'n taigh gu brath tuilleadh; oir, a bharrachd air gu'n robh mi air tighinn gu leithid a dh' aois 's gu'm feumainn fois a ghabhail, chuir mi romham nach cuirinn mi fhein ann an cunnart mar a rinn mi iomadh uair roimhe, gu bràth tuilleadh; agus mar sin, bha mi 'n dùil gu'n caithinn na bha romham dhe m' shaoghal aig fois 's aig samhchair.

Air latha araidh an uair a bha mi 'toirt aoidheachd do chairdean a thainig 'gam amharc, thainig aon dhe na seirbhisich agus thuirt e rium, gu'n robh fear a dh' oifigich an righ ag iarraidh m' fhaicinn. Dh' eirich mi o'n bhord, agus chaidh mi far an robh e. "Chuir an righ mise far am bheil thu," ars' esan, "a dh' innseadh dhuit gu'm bheil toil aige bruidhinn riut."

Lean mi an t-oifigeach do'n luchairt, far an d' thugadh an lathair an righ mi. Chuir mi failte air le mi fhein a shineadh air an urlar aig a chasan mar bu choir dhomh.

"A Shindbad," ars' esan, "tha feum mor agam ort. Feumaidh mi do chur le litir agus le tiodhlac a dh' ionnsuidh righ Sherendib. Is e mo dhleasdanas caoimhneas a nochdadh dha mar a nochd e fhein dhomhsa."

An uair a chuala mi so chuir e dragh mor orm. "A Cheannaird nan creidmhach," arsa mise, tha mi deas gu ni sam bith a dheanamh a chuireas sibh mu m' choinneamh; ach tha mi gu h-umhail a' guidhe oirbh gu'n toir sibh fa near na trioblaidean mora troimh 'n deachaidh mi. A bharrachd air sin, thug mi boid nach rachainn gu brath tuilleadh am mach a Bagdad." An uair a thuirt mi so ris, thug mi dha mion-chunntas air gach ni a thachuir dhomh air na sia tursan a bha mi air falbh roimhe sid, agus dh' eisd e rium gu foighidneach gus an do chuir mi crìoch air na bh' agam ri radh.

An sin thuirt e, "Tha mi 'g aideachadh gu'm bheil na dh' innis thu dhomh anabarrach iongantach, agus gu'n d' fhuiling thu trioblaidean neo-chumanta. Ach air mo shon fhein, feumaidh tu falbh air an turus air am bheil mi 'g ad chur. Cha 'n 'eil agad ri dheanamh ach a dhol gu ruige Serendib, agus an teachdaireachd a bheir mise dhut a thoirt seachad. 'Na dheigh sin faodaidh tu tilleadh dhachaidh. Feumaidh tu falbh; oir tha fhios agad nach biodh e iomchuidh no measail dhomhsa a bhith fo fhiachan do righ an eilean ud."

An uair a chunnaic mi gu 'n robh e muigh 's am mach suidhichte gu 'n cuireadh e air falbh mi, thuirt mi ris gu 'n robh mi deonach falbh. Bha e gle thoilichte, agus dh' ordaich e mile bonn oir a thoirt dhomh gus mo chosgais a phaigheadh.

Ann am beagan laithean rinn mi deiseil gu falbh, agus cho luath 's a thug an righ domh an litir agus an tiodhlac, chaidh mi do Bhalsora far an deachaidh mi air bord luinge. Fhuair sinn soirbheas cho math 's a dh' iarramaid.

An uair a rainig mi Serendib, dh' innis mi do 'n na comhairlich gu

'n robh teachaireachd agam a dh' ionnsuidh an rìgh, agus ghuidh mi orra innseadh dha gun dail gu 'n robh toil agam bruidhinn ris. Rinn iad so; agus thugadh mise do 'n luchairt le meas agus le urram. Thug mi umhlachd do 'n rìgh anns an doigh ghnathaichte. Dh' aithnich e anns a mhionaid mi, agus bha aoibhneas mor air a chionn gu'm faca e mi aon uair eile. "O Shindbad," ars esan, "is e do bheatha. Air m' fhacal gu'n robh mi 'smaointean gle thrì ort o'n a dh' fhalbh thu a so. Tha mo bheannachd air an latha anns an do thachair sinn ri cheile aon uair eile."

Thug mi taing da air son a chaoimhneis, agus thug mi dha an litir agus an tiodhlac a chuir an rìgh 'g a ionnsuidh, agus ghabh e iad gle thoilichte.

B' e 'n tiodhlac a chuir an rìgh 'ga ionnsurdh-aodach-buird oir a b' fhiach mìle bonn oir; leith cheud deise de dh' aodach luachmhor; ceud deise eile de dh' aodach geal a bha anabarrach grinn, agus a rinneadh ann an Cairo, ann an Cusa, agus ann an Alexandria; leaba rioghail de chrìomsan, agus leaba de sheorsa eile; soitheach agate a bha anabarrach luachmhor. Chuir e mar an ceudna bord anabarrach briagha g'a ionnsuidh, agus bha e air aithris, gur ann aig rìgh Solamh a bha e 'n toiseach.

B'e so na briathran a bh' ann an litir an rìgh:-

"Failte ann an ainm an rìgh a tha treorachadh dhaoine air an t-slighe cheirt, an rìgh sona agus cumhachdach, O Abdallah Haroun Alraschid, a chuir Dia ann an ionad urramach, an t-ionad 'san robh na daoine o'n d' thainig e:

"Fhuair sinn bhur litir, agus thug i aoibhneas dhuinn; agus tha sinn a' cur na litreach so do 'r n-ionnsuidh o ard-chomhairle na rioghachd; o ar daoine deadh-fhaclach. Tha sinn an dochas, an uair a sheallas sibh oirre, gu'n tuig sibh gu'm bheil deadh run againn dhuibh, agus gu'n toir i toileachadh dhuibh-Slan leibh."

Chord an litir so gu h-anabarrach math ri rìgh Serendib. Beagan uine an deigh domh mo theachdaireachd a thoirt seachad, dh' iarr mi cead falbh dhachaidh, ach cha robh an rìgh deonach mo leigeadh air falbh. Mu dheireadh fhuair mi cead falbh, agus thug an rìgh dhomh tiodhlac a bha gle luachmhor.

Gun dail sam bith chaidh mi air bord luinge gu tilleadh dhachaidh, ach gu mi-fhortanach cha deachaidh leam cho math 's bu mhiannach leam.

An ceann trì no ceithir latha an deigh dhuinn seoladh thachair long-spuinnidh ruinn; agus o nach robh airm againn air bord, ghlacadh sinn ann an tiotadh. Bha cuid dhe 'n sgiobadh a' cur 'nan aghaidh gu laidir, ach chaill iad am beatha air a shaileamh sin. Ach o nach do chuir mise agus a' chuid eile dhe 'n sgiobadh an aghaidh nan spuinneadairean, cha do mharbh iad idir sinn, o'n a bha run orra ar reic mar thraillean.

Thug iad dhinn a h-uile ball aodaich a bh' oirnn, agus chuir iad umainn seann aodach luideagach, salach, agus thug iad leotha sinn do dh' eilean iomallach far an do reic iad sinn.

B'e marsanta saoi bhir a bh' anns an fhear a cheannaich mise. Thug e leis mi dha thaigh fhein. Bha e gle chaoimhneil rium, agus thug e dhomh deadh dheise ri chur umam.

Beagan laithean 'na dheigh sin, agus gun fhios aige co mi, dh' fheoraich e dhìom an d' ionnsaich mi ceaird sam bith. Thuirt mi ris nach b' fhear-ceairde mi idir, ach gur e bh' annam marsanta, agus gu'n do reic na spuinneadairean mi an deigh dhaibh m' fhagail lom falamh.

"Ach innis dhomh, ars' esan, "an aithne dhut sealg a dheanamh le bogha-saighead?"

Thuirt mi ris gu'n robh mi 'cleachdadh a bhith 'sealg le bogha-saighead an uair a bha mi og, agus gu'n robh mi smaointean nach do dhichuimhnich mi fhathast e. Thug e dhomh bogha agus saighdean, agus thug e leis mi air a chulthaobh air muin elefant, agus cha do stad e gus an d' rainig sinn coille mhor, fharsuinn a bha astar math air falbh o'n bhaile. Chaidh sinn astar math a steach do 'n choille mu'n do stad sinn. Dh' iarr e orm tighinn air lar, agus an uair a chomharraich e mach craobh mhor dhomh, thuirt e rium, "Dirich suas do'n chraoibh ud, agus tilg saighdean air a h uile elefant a thlg dluth dhut; oir tha moran dhiubh anns a' choille so. Ma thuiteas a h-aon dhiubh, thig thu le fios ugamsa." An uair a thuirt e so dh' fhag e biadh agam, agus thill e fhein do'n bhaile.

Bha mi anns a' chraoibh fad na h-oidhche, ach cha'n fhaca mi aon elefant fad na h-uine. Ach air an ath mhaduinn, cho laath 's a dh' eirich a ghrian, chunnaic mi àireamh mhor dhiubh. Thoisich mi air caitheamh shaighdean orra, agus mu dheireadh thuit te dhiubh. Theich each 's a' mhionaid, agus fhuair mise cothrom air a dhol a dh' innseadh do m' mhaighistir mar a chaidh leam.

An uair a chual' e mar a rinn mi, thug e dhomh deadh bhiadh, nochd e dhomh mor chaoimhneas, agus mhol e mi air son cho math 's a linn mi.

'Na dheigh sin, chaidh sinn, le cheile do'n choille, far an do chladhaich sinn toll gus an elefant a chur ann. Agus an uair a ghrodadh i, bha esan gu tighinn a thoirt nam fiacal àisde gus an reic.

[TD 339]

[Vol. 6. No. 43. p. 3]

Lean mi air an obair so fad da mhios, agus bha mi a marbhadh elefant a h-uile latha. A' chraobh air am bithinn aon latha cha b' ann oirre a bhithinn lath' eile.

Air maduinn araidh an uair a bha mi ag amharc air an son, thug mi an aire, le mor ioghnadh, an aite dhaibh gabhail seachad orm troimh 'n choille mar bu ghnath leotha, gu'n robh iad a gabhail dìreach far an robh mi, agus fuaim eagallach aca 'ga dheanamh. Bha leithid ann dhiubh 's gu'n robh iad a' cur na talmhainn air chrith. Chuairtich iad a chraobh anns an robh mi; agus bha 'n gnois sìnne suas ris a' chraoibh, agus bha iad ag amharc orm gu geur. Chuir an sealladh a bh' ann a leithid a dh' eagal orm 's gu'n do thuit am bogha 's na saighdean as mo laimh air an lar.

Bha fìor aobhar eagail agam; oir an deigh dhaibh a bhith greis ag amharc orm, chuir an te bu mho dhiubh a gnos mu'n chraoibh anns an robh mi, agus spion i as a bun i, agus thilg i air an talamh i. Thuit mise comhladh ris a chraoibh, agus thog an elefant mi na gnos, agus chuir i air a muin mi, far an robh mi na bu choltaiche ri duine marbh na ri duine beo. Dh' fhalbh i leam, agus cach 'ga leantuinn. agus cha do stad i gus an d' rainig i monadh ard far an do leig i as mi air an talamh, Cha bu luaithe a leig i as mi na dh' fhalbh i fhein 's cach, agus dh' fhag iad an sid mi.

Is gann a thuigeas duine sam bith an suidheachadh anns an robh mi. Bha duil agam fad na h-uine gur e brùadar a bha mi 'faicinn.

An uair a bha mi greis mhath 'nam shineadh, agus a chunnaic mi gu'n d' fhalbh iad, dh' eirich mi, agus cìod a b' iongantach leam na mi fhein fhaotainn air mllach monaidh a bha ard, farsuinn, agus a bha comhdaichte le cnamhan agus le fiaclan elefant. Tha mi 'g aideachadh gu'n do chuir an sealladh so gu moran smaointean mi. Chuir an gliocas a bh' anns na h-ainmhidhean moran ioghnaidh orm.

MAR CHAIDH NA CAIT A CHRUIDHEADH.

LE IAIN MAC PHAIDEIN.

Cha robh bothan anns gach còiseig agus cluaineig fhasgaich, ann an sealladh agus ann an eisdeachd onfhadh a' chuain shiar, eadar an Rugha-Murchacach, agus Maol na h-Oa 'n Ile, anns nach cluinnteadh sgeul air Eòghan a' Chinn Bhig, an uair a chruinneachadh cuideachd comhladh, a chur seachad na h-oidhche gheamhraidh ann an tigh coimhearsnach. Agus cha robh muinntir Lag a'-chreagain dad air dheireadh air muinntir àite sam bith eile eadar an da rugha a dh' ainmich mi, ann an eolas air stadagan an eich ruaidh aig Eòghan. Ach tha e air innseadh dhuinn gu 'n d' eirich Pharaoh anns an Eiphit do nach b' aithne Eòghan, agus mar thuirt Dùghall Mac Phail anns an Dàn sin, "Cath Alma,"-

"Thug an Russach ionnsuidh fhuilteach
Air an Tuirc le fòirneart."

Thug am ministear a bh' ann a sud, ionnsuidh fhuilteach air Eòghan a' Chinn Bhig, air son cuir as da, ach tha Eòghan rìghinn, 's iomadh geamhradh a chuir e seachad. Cha 'n fhoghnadh leis a' mhinistear a bhi 'g radh nach robh Eòghan ann a nis, 's ann a dh' fheuchadh e ri

dhearbhadh á eachdraidh nach robh Eòghan riamh ann. Rinn am ministear Gilleasbuig Ruadh 'na fhoirbheach, agus gu cinnteach na 'n abradh am ministear "gug," dh' abradh Gilleasbuig, "gug, gug." Thainig duine mor, beartach as an airde deas, agus cheannaich e oighreachd Dhruim-buidhe ann an sgìreachd Lag-a'-chreagain, agus rinn e moran atharrachadh air an àite, le bhì togail thaighean ùra, agus a cur coille; thog e sreth thaighean fo 'n aon mhullach air son luchd obair, air 'n do chuir e mullach iarunn, rud nach facas san àite riamh roimhe; ach leis nach robh lobhta no linntidh sam bith fo iarunn, chluinnteadh tu guth nan sìontan gu math soillear 's tu ann ad shuidhe aig taobh an teine-cho soillear 's gu 'n d' thuirte Dughal Mac Uilleam gur h-iad taighean gasda bh' annta 'n uair a bhiodh an t-uisge no chlach-mheallain ann, do neach a bhiodh air acras tighinn a stigh ann a h-aon diu, a chionn gu 'n d' thugadh an fhuaim a bhiodh ri chluinntinn air an neach sin a chreidsinn, gu 'n robh a mhuic-fheoil 'ga ròsadh air a' ghealhan. Ach co-dhiu thachair air oidhche shonraichte gu 'n d' thainig Gilleasbuig Ruadh, am foirbheach, air thuras á Lag-a'-chreagain gu ruig an Druim-buidhe, agus chuir e seachad an oidhche ann an tigh caraid dha féin ann an aon de na taighean ùra a dh' ainmich mi, agus chuir e seachad a chuid bu mhò de 'n oidhche a' mineachadh 's a' leudachadh air goraiche na muinntir sin a bhios a' cost an uine ri ceol gun fheum, 'us òrain amaideach, faoin, sgeulachdan agus an lithidean sin. Bha duine eile a chòmhnaidh anns na taighean ùra, ris an abradh iad Paruig-Breac; bha Paruig air an oidhche ud 'na shuidhe aig taobh a theine féin 'n uair a thainig gille òg a mhuinntir a' bhaile a stigh. "An tu 'h ann, a Dhomhnuill?" arsa Paruig, "c'àite an robh thu cur seachad na h-oidhche gus a so?" "Bha mi," ars' an gille, "ann an tigh Iain 'ic Ailein." "Dé tha dol a sin a nochd?" arsa Paruig. "Cha 'n 'eil moran," ars' an gille. "Tha Gilleasbuig Ruadh á Lag-a'-chreagain a stigh." "Tha iad an deigh foirbheach a dheanamh de Ghilleasbuig," arsa Paruig. "Tha bhlàth 's a' bhuil," ars an gille, "tha 'm Biobull aige air a theangaidh." "Ciod e bha e toirt dhuibh as a' Bhiobull an nochd?" arsa Paruig. "Thug e dhuin ainmeanan na Fineachan a bha togail an Teampuill comhla ri Nehemiah, agus mhol e foighidinn Iob, agus an lamh a bh' aig Noah air an t' saoirsinneachd." "Nach do chàin e neach sam bith?" arsa Paruig. "Cha do chàin," ars' an gille, "e neach sam bith ach am fear a thatar a' càineadh gun stad an drasd, 'Eòghan a' Chinn Bhig.'" "Eoghan bochd," arsa Paruig, "cuiridh iad as dha gu buileach air a' gheamhradh so-ach cha 'n eil fhios nach faic cuideigin e 'gearra-leum mu 'n tig an t-earrach, agus mar gu 'm b' ann a leigeil fhaicinn dhoibh, nach eil e dol dad air ais, cha ghabhainn-sa iongantas ged a bhiodh an leum sin an comhair-a-chùil, eadar an Garbh-lios agus Dùn-dà-ghaoth. Ach dé bha Iain Mac Ailein fein ag radh ris na cùisean, agus gu sònraichte, dé bha Màiri Bhàn, a mhàthair cheile, ag radh?" "Cha 'n 'eil," ars' an gille, "mar is math tha fios agaibh, aig Iain Mac Ailein ach an aon fhreagairt air son a h-uile rud a chluinneas e, agus 'se sin,—"Tha fios air a sin, tha fios air a sin!" agus 's iomadh uair a thuirte e na briathran sin a nochd; agus a thaobh Màiri Bhàn, cha d' thainig smid as a ceann fad 's a bha mise 'stigh." "Tha mi dìreach 'gad chreidsinn," arsa Paruig. "Ach a Dhomhnuill," ars' esan, "falbh a nunn far a' bheil Iain Griasaiche agus iarr air crioman ròiseid a thoirt dhuit, agus faigh greim air ceathrar no

coignear de na balaich a's pongala a's aithne dhuit, agus cuir a stigh far a bheil mis' iad." Dh' fhalbh an gille air a thurus; fhuair e na balaich gun mhoran dragh, ach cha robh an ròiseid cho furasda fhaotainn, ged a bha Iain Griasaiche 'na dhuine cho fialaidh ri neach 's a' bhaile, mu ni sam bith eile a bh' aige; bha e fuathasach spiocach mu 'n ròiseid, agus 'n uair a thill an gille leis a' chrioman a fhuair e, thuir Pàruig gu 'm feumadh iad a sheachd uiread eile, 's chaidh fear an déidh fir a chuir air falbh a dh' iarraidh tuillidh, gus an deach triùir a chur air falbh, agus 'n uair a thill an treas fear cha robh leith gu leòir de ròiseid aca, ach dh' aithnich am fear mu dheireadh air briathran Iain nach ruigeadh neach leas dol a dh' iarraidh tuillidh ròiseid air an oidhch' ud, a chionn 'se thuir Iain, "Sgriosaidh iad mise a cumail ròiseid riu, tha mi 'm feum an sgireachd a chumail ann a ròiseid." Ach co-dhiu dh' fheumteadh an ròiseid fhaotainn, agus o nach d' thugadh Iain Griasaiche dhaibh an corr, b' fheudar Lachann Beag a mhac a thoirt a stigh ann an rùn diomhair a' chomuinn, a bha cruinn ann an tigh Phàruig, agus air an robh Paruig fein 'na cheann-suidhe-urramach, agus an sin chaidh Lachann Beag a chur air falbh a ghoid na ròiseid air 'athair fein, o nach gabhadh i faotainn air doigh eile. An uair a dh' ionndrainn Iain Griasaiche am meall ròiseid a bh' aig air an fhurm, thug e glaodh as ri mhnaoi a bh' ann an ceann eile an taighe-glaodh a chualas air taobh a muigh an taighe—"A bheil thu cluinntinn?" ars esan. "Cha 'n 'eil mi bodhar!" ars' a bhean. "Cha 'n 'eil fhios," ars' esan, "c' àite an deachaidh am meall ròiseid a bh' agam air an fhurm?" "Mur a bheil fios agad fhein air," ars' a bhean, "cha 'n 'eil fhios cia mar a bhiodh fios agamsa." "Tha 'n donas an

(Air a leantuinn air taobh 342.)

[TD 340]

[Vol. 6. No. 43. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 22 APRIL, 1898.

ATH-LEASACHADH SLOINNEADH NAN EIRIONNACH.

Mar a tha fios aig a' mhor-chuid de leughadairean MHIC-TALLA, tha na buill-feise Eirionnach an deigh saothair duineil a' dheanamh a thaobh an dùthchais agus gu h-àraidh a thaobh an cainnt fein. Ged a chuir na paipearan-naigheachd Sasunnach an aghaidh an oidhearpan a rinneadh as leth an sean doigh-sloinnidh a bha aig na Gaidheil da mhìle bliadhna roimh dhuinn an uiread a's lugha a' cluinntinn mu dheibhinn nan Sasunnach, cha mhisid sinn beagan phoncan a thoirt f'ar comhair fein, a thaobh a' bheachd a bha aig na sean Sasunnaich air a chùis.

Is ann mar a leanas a their am bàrd, Edmund Spencer, anns an leabhar ris an abrar <eng>Spencer's View of the State of Ireland<gai>—

“Agus a bharrachd b' fhearr leam gu'n robh gach “Ua” agus “Mac” a tha air thoiseach air ainmean nan ceann-feadhna, air an toirmeasg agus air an cur as gu buileach glan. Oir mar a rinneadh an nòs so 'na chleachdadh le Ua Briain an toiseach (mar a their cuid) bhithheadh a chur an leth-taobh 'na mheatachadh mor dhaibh.”

Ann an leabhar Phendergast a tha tighinn air an t-suidheachadh a rinneadh le Cromwell ann an Eirinn, leughaidh sinn mar a leanas:—

“Eighichtear gu teann air na h-Eirionnaich an ainmean fein Tadhg, Dearmad, agus an leithid 'fhagail agus atharrachadh Beurla air na h-ainmean ceudna a' thoirt orra; agus anns an àm ri teachd thugtar orra ainmean Sasunnach a thoirt air an cloinn-agus gu seachd sonruichte gun “Ua” no “Mac” air thoiseach orra, agus fa dheireadh dh' fheumadh iad an taighean a thogail le simileirean orra mar a tha air na taighean Sasunnach, agus dh' fheumadh iad an giulan fein a thaobh banas-tighe agus nithean eile mar a ni na Sasunnaich.”

Agus so earrann á achd a rinneadh ri linn Eideard IV:—

“Feumaidh gach Sasunnach a tha ag gabhail comhnuidh am Baile-Atha-Chliath, Monaghan, Meidh agus Cill-Dair, a bhalt os cionn a bheòil a' ghearradh dheth, mion umhlachd a' thoirt seachad do'n rìgh, 'ainm Eirionnach 'fhagail agus ainm eile mar a tha Sutton, Chester, Trvin, Skyme no dath, mar a tha <eng>Brown, Green<gai>, agus an leithid, a thoirt air, air neo a mhaoin agus a chuid a' chall gach bliadhna.”

Chi sinn mar so gu'm b' àbhaist do na Sasunnaich bha ag gabhail comhnuidh an Eirinn ainmean Gaidhealach a thoirt orra. Is tearc iad na Gàidheil anns an latha an diugh aig am bheil fios air so. Cha'n ionann mar a tha cùis na Gàidhlig an diugh agus mar a bha i o shean. “Is fearr a' bhith as an amhaich na as an fhasan,” deir an seanfhacal. Ach is e mullach an fhasain, neo-sheasmhachd; agus cha

chualadh duine riamh ag radh gu'n robh na Gaidheil neo-sheasmhach. Cha'n iadsan a "bhitheadh latha bhuat agus agad," ged is ann leo a rinneadh am facal brioghmhor tearrachdail sin "leam-leat." Leigidh am facal so ris do dhuine tuigseach, meud an tarhuis a bha aig ar sinnsirean bunailteach air duine faoin caochlaideach. Tha sinn fathasd an diugh 'nar cinneach 'air leth, agus gun ar coimeas no ar seise anns an t-saoghal mhor, agus ma is math leinn leantuinn mar sin, agus mur math leinn ar measgadh leis na Sasunnaich rud a tha ionann agus am bàs dhuinn, thoireamaid an oidhirp agus theid gnothuch sam bith leinn anns an cuir sinn sùil, ma chuireas sinn spionnadh innte mar an ceudna. (Cha'n eil cainnt air an t-saoghal aig am bheil focal cho fìor-fhoghaintaach ri "spionnadh.") Bu choir dhuinn, mata, àgh agus sanas a' ghuidhe leis na daoine treuna a sheas an dùthchas féin cho daingeann, ann a bhith a' fiachainn ri ath-chuthadh agus ath-bheothachadh nan sean ainmean Gaidhealach, gun eagal romh dhuine sam bith a rachadh 'nan aghaidh.

LUNAINNEACH.

Tha uaislean na Gaidhealtachd a' tagairt gur leo-san am fearann agus gach ni a tha air uachdar. Is leo-san na h-aibhnichean agus an t-iasg a thig o'n fhairge; is leo-san gach creutair a ghluaiseas air an talamh; is leo-san maorach a' chladaich agus an fheamuinn a thig a steach air an traigh.

Tha iomadh sgìreachd anns a' Ghaidhealtachd a bha 'na sgìreachd chroitèaran o cheann dà fhichead bliadhna, no eadhon deich bliadhna fichead, anns nach eil deich chroitèaran an diugh.

Tha neul a chogaidh a' sior fhàs na's duimhe. Faodadh gu'm bi cogadh air a ghairm mu'n teid so an clò.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty, <gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

TAILLAERACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

[TD 341]

[Vol. 6. No. 43. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha Ard-Sheanadh na h-Eaglais Chléirich gu bhi ann am Montreal air an t-samhradh so; bidh e air fhosgladh air an ochdamh latha de'n Ogmhios.

Rainig cuibhrionn na seachdain so de "Eachdraidh nan Caimbeulach" sinn tuilleadh us anamoch air son àite fhaotainn anns an àireamh so. Gheibh e àite ann an àireamh na seachdain s'a tighinn.

Cha 'n ann gun am beatha chur an cunnart a tha daoine faighinn gu dùthaich an òir. O chionn beagan us seachdain air ais, bha eadar leth-chead us tri fichead duine air am marbhadh aig <eng>Chalicoot Pass<gai> le meall sneachda a thuit a nuas bhar nam beanntan.

Tha e coltach gu bheil na Mormanaich a' fàs lionmhor ann an Canada; tha àireamh theaghlaichean dhiubh eadhon ann an Nobha Scotia, ann an siorrachd Hants, far am bheil Sgoil Shàbaid aca. 'S ann an àiteachan iomallach, nach eil luchd-teagaisg eile ro thrì a ruigheachd, a tha na Mormanaich daonnan ri'm faotainn.

Chaidh tigh-gleidhidh sìl 'na theine ann am Boston, maduinn na Sàbaid s'a chaidh, agus bha e air a losgadh gu làr. Bha ceithir cheud mìle buiseal crithneachd ann, agus chaidh an t-ìomlan a chall. Tha an call uile gu leir air a mheas aig sia ceud mìle dolair, an call bu mhotha rinneadh le aon teine anns a bhaile o chionn choig bliadhna.

Chaidh gill' òg, Ernest L. Higgins, a losgadh gu bàs ann an <eng>St. John, N. B., <gai> oidhche Shatharna, an naodhamh latha de 'n mhios. Chaidh e stigh do sheòmar-nighe, agus spraidh an lampa bh' aige, 's mu 'n d' fhuair e g'a chuideachadh, bha e air a losgadh gu dona, agus chaochail e an deigh cràdh mor fhulang. Cha robh e ach còig bliadhn' deug a dh' aois.

Fhuair e o chionn ghoirid sgeul bàis Shim Fhriseil, a chaidh a mharbhadh aig baile Virginia, an California. Bha e-fhéin 'sa bhean a mach ann an carbad, agus chuir an t-each an comhair an cùil le banca cas iad. Bha esan air a ghoirteachadh cho dona 's gu 'n do chaochail e an ceann thri latha. Bu bhràthair e do D. C. Friseal, fear-pàrlamaid siorrachd Ghuyssboro.

Ma 's e's gum brist an cogadh a mach eadar na Stàitean 's an Spàinn, rud a tha nise gle choltach, ni e malairt gu math na's fhearr anns na Roinnean Iseal. Tha marsantan Halifax a cheana 'g ullachadh air son creic ris na Spàinntich. Ach a dh' aindeoin sin b' fhearr le muinntir na dùthcha so gun an cogadh a bhi ann idir. Faodaidh cogadh a bhi na bhuanachd do chuid. ach bidh e 'na sgrios uamhasach do mhuinntir eile.

Tha Riaghladh Mhanitoba an deigh tuarasdail nam fear-pàrlamaid agus buill an Riaghlaidh fhéin a lughdachadh. Tha ceud dolair 'sa bhliadhna air a thoirt bhar nam fear-pàrlamaid, agus tri cheud bhar buill an Riaghlaidh. Tha so 'na chomharradh nach ann air son airgeid uile gu léir a tha luchd-pàrlamaid Mhanitoba ag obair d' an dùthaich. Ann an Nobha Scotia cha 'n eil gle fhada o'n chaidh na tuarasdail bhliadhnail àrdachadh ceud dolair.

Tha 'n laimhrig ùr ghuail a thatar a togail ri taobh an <eng>International, <gai> a dol air adhart gu bras. Tha mu cheud duine 'g obair air o chionn còrr us mìos, agus tha dùil ri e bhi cho fad air adhart mu mheadhon Maigh 's gu 'n gabh soithichean luchdachadh aige. 'Nuair a bhios crìoch air, bidh e aona ceud deug troigh a dh' fhad, ochd troighean fichead a leud, agus da fhichead troigh os cionn an uisge. Tha e dol a chosg mu leth-cheud mìle dolair. Gu ruige so, cha do thachair sgiòrradh de sheòrsa sam bith do aon de 'n luchd-obrach.

Chaidh da charbad a chur bhar an rathaid-iaruinn faisg air Pictou, a sheachdain gus an dé. Bha duine agus bean air an goirteachadh, ach cha robh call beatha sam bith air a dheanamh.

Tha 'm fios mu dheireadh a thainig á Breatunn ag radh, gu bheil Morair Obaraidhean gu bhi ann an Canada mar Ard-Riaghladair fad bliadhna eile. Cha bhi e fàgail na dùthcha gu <eng>September<gai>.

1899; bidh e an uair sin air a bhi sia bliadhna ann an Canada.

Tha am flùr air eiridh ann am pris o chionn da sheachdain air ais; dh' éirich e 35c am barailte cheana, agus 's ann a sior dhol na 's àirde tha e. Cha mhor gu bheil buiseal crithneachd an Canada, ach na th' aig na muillearan, nach eil ri bhi air a chur air falbh do dhùthchannan céin.

Thatar ag radh gu bheil seana bhean ann an <eng>St. Peter<gai>'s a tha 'n deigh ciste-laidhe fhaighinn, agus gu bheil i an deigh teann ordugh a thoirt d'a teaghlach gur h-i sin a' chiste anns an cuir iad i 'nuair a gheibh i bas. Cha 'n eil i fhathast ach tri fichead bliadhna 'sa deich a dh' aois, agus tha i cho slàn, fallain 'sa bha i riamh.

Mar a tha fios aig ar leughadairean, chaochail aon de fhir-pàrlamaid Eilean a' Phrionnsa, Mr. S. F. Perry, air a gheamhradh s'a chaidh. Bha taghadh anns an t-siorrachd d' am buineadh e a sheachdain gus a bhòn-dé, agus fhuair Mr. Mac Gill-fhaollain, an <eng>liberal,<gai> a stigh le ceud bhòt 'sa dha a bharrachd air an fhear a bha 'ruith 'na aghaidh.

Tha raon mor fearainn ris an canar an <eng>Tantramar Marsh,<gai> eadar Nobha Scotia agus <eng>New Brunswick,<gai> a tha leth na h-ùine fodh uisge chuain. Thatar an dràsda bruidhinn air an sàl a dhùnadh a mach, agus ma shoirbhicheas sin leotha, bidh e 'na fhearann gle thorach. Tha mu sheachd mil' acaire ann dheth air fad, agus cosgaidh e muillean dolair a thoirt gu feum.

Thainig barrachd airgeid a stigh do'n Riaghladh Bhreatunnach air a bhliadhna 'chaidh seachad 'sa thainig a stigh bliadhna riamh roimhe. B'e 'n teachd-a-steach an uiridh gu h-iomlan, ceud us sia deug mullean punnd, (£116,000,000), no dlùth air coig ceud 's ceithir fichead muillean dolair, (\$580-000,000), an airgeid na dùthcha so. Cha robh maoin cho mor aig rioghachd riamh roimhe.

Fhuair an t-arm Breatunnach buaidh mhor anns an t-Soudan, an teismeadhon <eng>Africa<gai>, o chionn da sheachdain air ais. Chuireadh blàr ris na <eng>Dervishes<gai> aig àite ris an canar Atbara, agus chaidh an ruaig a chur orra gu buileach. Tha an t-slighe nise fosgailte gu baile Khartoum, agus cha 'n fhada 'n ùine gus am bi cumhachd nam Mahometanach air a bhristeadh gu h-iomlan anns na cearnan sin, agus am bi 'n dùthaich air fad fo riaghladh Bhreatuinn.

Tha e nise cinnteach gu bheil cogadh gu bhi eadar an Spàin agus na Stàitean. Tha da thigh-pàrlamaid nan Stàitean, an <eng>congress<gai> agus an <eng>senate,<gai> an deigh aontachadh impidh a chur air an Spàin Cuba fhàgail, agus an saorsa thoirt do shluagh an eilein sin iad fhéin a riaghladh mar is àil leotha. Tha cead air a thoirt do Ard-Riaghladair na dùthcha, McKinley, an t-arm a ghairm a mach uair sam bith a chi e iomchuidh air son toirt air na Spàintich deanamh a reir iarrtus nan Stàitean, dh' an aindeoin, mur dean iad dh' an deòin e. Ged tha na Spaintich bochd agus lag mar chinneach, tha iad gle àrdanach, agus 's gann a strìochdas iad do na Stàitean gun

ionnsuidh chruaidh a thoirt air an còir fhéin a sheasamh. Bhiodh Austria agus an Fhraing gle dheònach an Spàin a chuideachadh, ach tha eagal aca roimh rioghachdan eile na Roinn-Eorpa. Tha taobh mor aig muinntir Bhreatunn ris na Stàitean anns a' chùis.

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu
Suic agus Iaruinn Cruinn,
Creamers, Soithichean Baine,
Airneis-taighe, Stobhaichean,
Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirgle thoileach
a shealltuinn.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaig air laimh. Ma tha thu air son
Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige
math 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B

[TD 342]

[Vol. 6. No. 43. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 389.)

so a nochd!" ars' esan. "Cha 'n 'eil mi idir a cur teagamh nach 'eil," ars' ise, "ach ann am measg gach cron a chuala mi 'g an cuir as a leth, 's bha iad lìonar, cha b'e h-aon diu sin a bhi goid ròiseid; fiach nach do shuidh thu oirre 's a bheil i 'na plàsd air cùl na brigis agad, mar a's minic a bha i 's tu 'g radh gu 'n robh i air chall." Ach co dhiu, bha 'n ròiseid air chall an uair ud, 's cha ghabhadh i faotainn. An uair a thainig e fada san oidhche 'sa ghabh muinntir nan taighean ùra mu thamh, thòisich Paruig Breac, agus a' chuideachd a bha leis, air an smuaintean fein a chuir ann an gnìomh. Fhuair iad sia no seachd de chait, agus dòrlach de shligean bhàirneach; chaidh na sligean a lionadh gu 'n leth le ròiseid leaghte; an sin bha spòg a' chait ga sparradh anns an t-slige fhad 's a bha 'n ròiseid blàth, agus 'n uair a dh' fhuaraicheadh i, 's cha bhiodh sin fada, bhiodh an t-slige gu teann, cruaidh air spòg a' chait, 's cha bhiodh e furasda a toirt dheth. Ach cha robh cruidheadh nan cat idir co furasda 's a shaoil leis na seòid a bhiodh e; bha fear no dha dhiu 's fhuil mu thalamh mu 'n deach na cait a chruidheadh. A nis 'se 'n rud a bh' anns an amharc aig na gillean, agus an t-aobhar a thug orra iad fein a chuir gu leithid sud de dhragh, na cait a chur suas air mullach an taighe agus leigeil leò dannsadh ann a sud air an iarunn gus am biodh iad sgith, no gus an rachadh an cuir as, agus fhuair iad doigh air a sin a dhianadh. Chaidh leth-dusan cat cruidhte, glan a leigeil as air mullach an taighe cearta comhladh, ach thug na seoid iad fein an casan as cho luath 's a b' urrainn iad, ach cha deachaidh iad cho fad air falbh 's nach robh iad a faicinn 'sa cluinntinn a h-uile dad a bha dol. Thòisich an iorghaill air mullach an taighe, 's b'e sin an iorghaill, fuaim nan sligean ris an iarunn agus sgiamhail eagalach nan cat. Bha e air a sheanchas aig an àm gu 'n do ghabh a h-aon diu an caothach 's nach d' fhuair e riamh ni b' fhearr. Dhùisgeadh muinntir nan taighean ùra as an ciad-chadal leis an starum a bh' air mullach an taighe agus a h-uile fear anns an robh a bheag no mhòr mhisnich ghearr e cruinn-leum air an ùrlar, 's e cur uime cho luath 's a b' urrainn e, bha e gabhail a mach 's cha b' fhada gus an robh grunnan math dhaoine ag amharc 's ag éisdeachd ris a chluith a bh' air mullach an taighe. An am measg na cuideachd a thainig a mach bha Eachunn mòr, agus leis a chabhaig cha d' fhan e ri barr-iall a bhròig a cheangal, thug e tacan ag amharc air na bha dol agus an sin thuirt e ris an neach a bha làmh ris—"Ciod iad na creudairean a th' ann?" "Tha," thuirt an neach sin, "cait." "Ma 's h-iad," arsa neach eile, "tha cruidhean orra." "Cruidhean orra no dhiu," ars' Eachann "cha dian an obair so moch-eiridh, agus ann an uine na bu lugha na ghabhas e g'a innseadh, fhuair e fàradh, agus cuaile bata 's bha e air mullach an taighe a' ruith nan cat, 's bu shuarach an fhuaim a bh' aig cruidhean nan cat sesch an fhuaim a bh' aig cruidhean Eachainn, ach cha b' fhada gus an d' fhag na cait mullach an taighe aig Eachann dha fein, thug iad iomadh ionnsaidh air fhagail mu'n d' ràinig Eachann, agus an uair a chaidh an toil a bh' aca gu faotainn a dh' ionnsaidh an làir, agus an t-eagal a bh' aca roimh Eachann còmhladh, cha robh iad fada toirt na leum. Ach ann a h-aon deth leumanan Eachainn an déidh nan cat, dh' eirich dha gu

tubiasdeach, gu 'n do chuir e chas air àite far an robh dà chrioman deth 'n iarunn air an grobadh ri cheile, eadar dà lànain agus a sios ghabh cas Eachuinn troimh mhullach an taighe cho fad 'sa leig a chom e agus thachair gur h-ann dìreach os cionn taigh Iain 'ic Ailein, a dh' eirich an tubaist ud do dh' Eachann. Chlisg a h-uile neach a bha 'n tigh Iain 'ic Ailein, agus leum Màiri bhàn, a màthair chéile air an ùrlar, rug i air fòid mòna bharr na teallaich agus teine anns an darna ceann deth; shéid i suas e gus an d' thainig lasag ás, thog i 'làmh 's sheall i ris na sparran, thug i sgriach aisde, thilg i 'm fhoid air ais air an teallach 's bha i 'na leabaidh a chruinn leum. "Biodh ciall agad a bhoirionnaich," arsa Gilleasbuig ruadh, 's e ag glaodhaich a ceann eile an taighe, "Biodh ciall agad fhein," arsa Màiri bhàn, "'s tha feum agad air agus cas an eich a nuas troimh mhullach an taighe." Dh' eirich Iain Mac Ailein 's las e 'n crùisgean 's sheall e os a chionn ris na sparran, ach cha robh cas eich no cas duine ri fhaicinn, a chionn fhuair Eachann Mor a chas a shlaodadh leis, mu 'n d' fhuair Iain an cruisgean laiste, ach ged nach robh cas duine no cas eich ri fhaicinn, bha e soilleir gu leòir ri fhaicinn gu'n robh toll air mulach an taighe, agus cha robh sin ann an uair a chaidh Iain a laidhe. Ach co dhiu cha do chaidil Gilleasbuig ruadh, am fairbheach oidhche riamh, tuillidh fo sparraibh a h aon de na taighean ùra, agus cha mhò a chuala neach riamh ás a dheigh sud e a bruithinn air Eoghan-a'-Chinn-Bhig. Dh' fhaoidte gu 'n do chuimhnich e air a chomharlaidh a thug glag Sgàin -"An rud nach buin duit na bean da."

TRATHAN NA BLIADHNA.

Is e Dia 'thug dhuinn 'n a mhor chaoimhneas, comas air sonas baigheil, gasda 'thrusadh agus a shealbhachadh. Ma dh' fhaoidte gu bheil tlachd mor, eadhon aig brùidean na machrach, am feadh a tha 'n samhradh blath 'us carthannach. Tha iad 'n an doigh bhalbh fein a coimhlionadh ruin an Tì a chruthaich iad; ach tha iad aineolach air fìor àilleachd 'us maisealachd nan seallaidhean a tha m' an cuairt daibh. Nam bitheamaid-ne as eugmhais nam buadhan arda fiachail a tha 'g ar togail os ceann ainmhidhean na machrach, cha bhitheadh comas againn air fiamh, 'us grinnead us ciatachd an t-saoghail fhaicinn no mhealltuinn, no subhachas inntinn a tharruing asda. Ach chruthaich Dia sinn 'n a dhealbh agus a reir a choslais fein, agus air an aobhar sin is urrainn duinn beachdachadh le tlachd air a liuthad comharradh air gliocas 'us caoimhneas an Tighearna 'tha trathan na bliadhna 'nochdadh. Is urrainn duinn ar n' aire 'shocrachadh gu durachdach air sgeadachadh fonnmhor, briagh na talmhuinn, agus eigheach a mach le cridheachan iriosal taingeil gur e Dia a rinn an samhradh.

Is ann bho Dhia a tha gach sonas fìor, 'us ceart, 'us seasmhach a tighinn. Tha moran de 'n chinne daoine a dearbhadh gu soilleir le 'n comhludair mi-naomha 's ceannairceach, nach ann an coimhlionadh toil an Tighearna a tha iad deonach agus iarrtusach air sonas soghmhor a' shireadh agus fhaotainn. Tha iomadh dearbhadh muladach agus cianail againn nach eil ach faoineas agus amaideachd uamhasach a bhi 'g iarraidh sonais ann an gnathachadh no ann an gnìomh air bith a tha

deanadh dimeas air reachdan naomha an Tighearna. Is e so aideachadh muladach Sholaimh an deigh dha imeachd 'n a ruith 'us 'n a dheann-ruith anns gach ruidhtearach, 'us mi-bheus 'us anameasarachd,—nach robh ach diomhanas 's an iomlan, agus buaireadh spioraid neo-bhàsmhor a bhuineas duinn a bhi air a shasachadh gu buileach leis gach ni ris an canar aighear saoghalta. Is ann bho Dhia a mhain a tha gach sonas glan, 'us maith 'us ceart a' tighinn. Is E fein an tobar siorruidh bho 'n bheil gach slainte, 's sonas 'us seasgaireachd a sruthadh le fonn milis, ceolmhor, diadhaidh. Ni Esan da rireadh, samhradh grianach dhoibhsan a choimhideas a reachdan gu dichìollach agus gu faicilleach.

RENA.

Anns na laithean a dh' fhalbh b' abhaist do na Sasunnaich an clann a reiceadh mar thràillean. Ma thachair gu'n robh aig neach air bith tuilleadh cloinne na bha e comasach air a thoirt roimhe gu furasda, bha cead aige na b' àill leis diubh a reiceadh. Anns a' bhliadhna 1102 thog Ard-Sheanadh Lunnainn an guth an aghaidh a' ghnàthachadh mhi-nàdurra so, agus an deigh sin cha robh e ceadaichte do neach sam bith tràillean a dheanamh de an cloinn no de an seirbhisich. Ged a tha na h-Eirionnaich fo smachd nan Sasunnach an diugh, bha e ro chumanta 'nam measg aig an àm ud, a bhi a' ceannach nan Sasunnach agus 'gan gleidheadh 'nan tràillean.

Bha duine bochd ag iarraidh deirce la, agus thug bean uasal mir arain da, agus thubhairt i ris nach bu mhath leatha air chor air bith fòir a dheanamh air leisgeadair, ach gur ann "air son Dé" a thug i an uiread sin da.

"Agus an ann airson Dé nach do chuir thu ìm air?" ars am bacadh.

Am bheil thu pàigheadh air son a phaipeir? Mur eil, bu chòir dhut nàire bhi ort.

[TD 343]

[Vol. 6. No. 43. p. 7]

DOMHNULL MAC FHIONNLÀIDH NAN DAN.

Bha am bàrd agus an sealgair ainmeil so beò ri linn an siathamh Rìgh Seumas. Tha e air a ràdh gu'm bu mhac e do fhear Mac Eanruig á Gleann Comhann, ach tha muinntir Lochabar ag ràdh gur ann a rugadh e ann am Braigh Mhar, agus gu'n d' thainig e 'nuair a bha e òg, do'n Fhearsaid far an do thuinich e aig àite anns am bheil a nis taigh ciobair. A mach o thuras—seilg no dha a ghabh e, chuir e thairis a' chuid mhor de a bheatha feadh nam beann mu thimchioll Loch Treig. Latha de na laithean, ghabh Dòmhnall turas a b' fhaide na b' àbhaist da. Thog e air a mach troimh 'n choille mhoir a bha aig an àm sin

mu'n Uisge Dhubh, agus ghabh e air adhart gus an do ràinig e am Monadh Dubh, far an do rinn e buil cho math de a chuid shaighdean am measg nan damh cròcach agus gu'n d' thug an Ridire Dubh, Loch Odha, (no mar b' fhearr a b' aithnichte e "Donnachadh Dubh a' Churraic.") ordugh faire a chumail air. Mu dheireadh chaidh a ghlacadh agus a thoirt do'n Fhionnlairg. Chuir an Ridire Dubh roimhe Dòmhnall a chur fo ghlais; ach 'nuair a thuig e gu'm bu e an sealgair agus am bàrd ainmeil a bha aige mar chimach, agus e fein a bhi na bhàrd cuideachd, thairg e Dòmhnall a chur mar sgaoil nan cuireadh e saighead ann an ceann feidh aig astar àraidh. Thog Dòmhnall an geall gu toileach, agus thog e air do'n bheinn, air toir an fheidh. Chunnaic iad eilid, agus shealg e oirre gus an d' fhuair e i aig an astar a chaidh a shuidheachadh. Bha i ag ionaltradh aig an àm, agus cha do thog i a ceann. Mu dheireadh chaill Dòmhnall foighidin, rinn e fead, thog i a ceann, tharruing e a bhogha agus bhuaile e eadar an dà shùil i. 'Nuair a chunnaic an Ridire so, cha'n e a mhàin gu'n d' thug e a shaorsa do Dhòmhnall, ach thug e da lan chead feidh a mharbhadh air an oighreachd aige, agus thill Dòmhnall do'n Fhearsaid. Chaith e an corr de a bheatha anns a' chearn sin' agus anns na frithean mora eadar Loch Earrachd agus Loch Liomhann, far an robh madaidh-allaidh agus feidh maraon. Tha na h-àitean air an comharrachadh a mach gus an latha an diùgh far an do chuir e saighdean ann an dà mhadadh-allaidh-aon aig Lub Coire Chreagachaidh, agus am fear eile aig an Dubh Lochan làmh ri Muileann na Fearsaide Moire.

L. L.

FACAL A BAIL'-AN-TOBAIR.

FHIR-DEASACHAIDH GHASDA:—Tha mi 'n ar comain airson an t-saothair a tha sibh a gabhail a chumail suas na Gàilig chòir. Gabhaidh daoine saothair mhor ri creutair a bhios a faighinn a bhàis a chumail beò. Agus mar sin, o'n tha càirdean na Gàilig a gabhail a leithid de chùram dhi "Cha teid i 'n ciansa bàs." Tha cuid de Ghaidheil chòir san àite seo a tha deanamh an uile dhichiol air a chainnt urramach sin a chumail ann an cleachdadh. 'S ann dhiu sin "Murcha Cam" am Bail'-an-Tobair. Tha eolas math agam air Murcha a nise dlùth air tri fichead bliadhna; ach chab' aithne dhomh idir gu'n robh e cam, mur ann an uair a bhiodh e 'losgadh air na cearcan-tomain. Ach tha e nis air fàs sean, agus an là bhios e air a thoirt air falbh as ar measg tha eagal orm gu'm falbh tomhas mor dhe'n Ghàilig maille ris. Agus is i mo bharaile gur i a bhios e seinn anns an Teambull Shuas. Air mo shon fhin dheth bha tlachd mor agam, ann an làithean m' òige, a bhi leughadh sgrìobhaidhean an duine ainmeil Tormad Mac Leòid, Sgialachdan mu Choire-nam-Fiadh, Manus Donn na Beinne, agus Màiri a' Ghlinne, An t-Each-Iaruinn, agus Sàr-Obair nam Bàrd Ghaidhealach.

Tha moran de dhaoine briathrach a toirt òraidean dhuinn tiom a gheamhraidh-gun ghuth ach Beurla, ged a b' ann air Oisean no Fionn no air Conn a bhiodh iad a labhairt. Ach faodaidh sinn a radh mar thuirt seann duine còir a bha againn an seo, aig nach robh guth Beurla. Thachair dha bhi ann an taigh far an robh triuir

mhinisteirean aig an robh deagh Ghàilig. Cha d' thug iad fa near nach robh Beurla aig an duine bhoichd, 's cha robh smid Gàilig a tigh'nn as am bial. Rug Iain còir air 'aid 's an uair a bha e mach an dorus dh' éibh e "O cliu dhut a Thighearna gu'n tuig Thusa Gàilig."

AN TAILLEAR CRUBACH.

Bail'-an-Tobair, E. P. I.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,
\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G.
Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son a phris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"

Sydney, C. B.<gai>

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche

Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c.&c.
SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 344]

[Vol. 6. No. 43. p. 8]

Seann Oran Sgiathanach.

LE MAIRI NIGHEAN ALASDAIR RU Aidh.

Hithill, uthill agus 0,
Hithill o h-oireannan,
Hithill uthill agus 0,
Hithill oho h-oireannan,
Hithill uthill agus 0,
Hithill o h-oireannan,
Faill-ill o h-ùithill 0,
Ho-ro gheallaidh hì-ill-an.

Ged do theid mi do m' leabaidh
Cha 'n e cadal is miannach leam,
Aig ro mheud na tuile,
'S mo mhuilean gun iarann air,
Tha mholtair ri paidheadh,
Mur cailltear am bliadhna mi,
'S gur feumail domh faighinn,
Ge do ghabhainn an iasad i.
H-ithill, &c.

Tha mo chion air a chlachair,
Rinn m' aigne-sa riarachadh,
Fear mor, a bheoil mheachair,
Ge tosdach gur briathrach thu;
Gu 'm faighinn air m' fhacal
Na caisteil ged dh' iarainn iad;
Cheart aindeoin mo stàta.
Gun chàraich sud fiachan orm.

Ged a thuirt mi riut clachair,
Air m' fhacal cha b' fhior dhomh e,
Gur rioghail do shloinneadh
'S gur soilleir ri iarraidh e,
Fior Leòdach ùr, gasda,
Foinnidh beachdail, glic, fialaidh thu,
De shliochd nam fear flathail,
Bu mhath an ceann chliaranach.

Ach a mhic ud Shir Thormoid,
Gu 'n soirbhich gach bliadhna dhut,
Chuir buaidh air do shliochd-sa,
Agus piseach air t-iarmadan;
'S do 'n chuid eile chloinn t-athar,
Anns gach rathad a thriallas iad,
Gu 'n robh toradh mo dhurachd
Dol nan run mar bu mhiannach leam.

'Nuair a theid thu do 'n fhireach,
'S ro mhath chinneas an fhiadhach leat,
Le d' lothain chon ghleusda
Ann ad dheigh 'nuair thrialladh tu,
Sin, a's cuilbhear caol, cinnteach,
Cruaidh, direach, gun fhiaradh ann;
Bu tu sealgair na h-eilid,
A choilich, 's na liath-chirce.

Tha mo chion air an Ruairidh,
Gur luaineach mu d' sgeula mi,
Fior bhoinne geal suairc' thu,
Am beil uaisle na peacaige,
Air an d' fhas an cul dualach,
'S e na chuachagan teud-bhuidhe,
Sin a's urla glan, suairce,
Cha bu tuairisgeul breugach e.

Slan iomradh dhut Iain,
Gu mu rathail a dh' eireas dut,
'S tu mac an deagh athar,
Bha gu mathasach, meaghrachail,
Bha gu furbhailteach, daonnachdach,
Faoilteachail, deirceachail,
Sàr cheannard air "trùp" thu,
Na 'n cuirte leat feum orra.

Gur àluinn am marcach
Air each an glaic diollaid thu,
'S tu cumail do phearsa
Ann an cleachdadh, mar dh' iarainn dut,
Thigeadh sud ann ad laimh-sa
Lann Spainteach, ghorm, dhias-fhada,
A's paidhir mhath "phiostal"
Air crios nam ball sniomhanach.

Tha mo Run air a Ghille.

Tha mo rùn air a' ghille,
'S e mo dhùrachd gu 'n tig thu;
'S mi gu 'n siùbhladh leat am fireach
Fo shìle nam fuar-bheann.

Oidhche shamhraidh dhomh 's mi 'm ònar,
Na 'm b' urrainn domh gu 'n deanainn òran,
'S truagh, a rìgh, nach robh mi pòsd'
Air òigear a' chùil dualaich.
Tha mo rùn, etc.

O, gur e mo cheist an t-òigear,
Fear chùil duinn 's an leadain bhòidhich;
'S mi gu 'n siùbhladh leat thar m' eòlais,
Ged tha 'n còta ruadh ort.

'S mor a thug mi 'ghaol do 'n fhiùran,
Tha mach á teaghlach Chill-Iunduinn;
Sealgair fhiadh thu'm beinn a' bhùiridh,
'S eilid lùth nan luath-chas.

Ged tha blàth na bric' ad aodann,
Cha do lughdaich sud mo ghaol ort;
'S mi gu 'n siùbhladh leat an saoghal,
Na 'n saoilinn do bhuannachd.

Phòsainn thu dh' aindeoin mo chardean,
Gun toil m' athar, no mo mhàthar;
Iain saor a tha mi 'g àireamh,
Bho 'n 's e chnàmh a' ghruag dhìom.

Tha 'n Nollaig a' tigh'n as ùr oirnn,

Ged a tha, gur beag mo shùrd rith';
'M fear nach fagadh anns a' chùil mi,
Air chul nan tonn uaine.

'S beag a shaoilinn féin an uiridh,
Gu 'n treigeadh tu mi cho buileach;
Mar gu 'n tilgeadh craobh a duilleach,
Dh' fhàs thu umam suarach.

Chuireadh an t òran so ugainn leis an Dotair Mac Leòid, á Spokane,
an stàit Washington. Chuir càirdean eile na roinn cheudna g' ar n-
ionnsuidh. Cha 'n eil teagamh againn nach e so an t-òran a bha ar
caraid ag iarraidh.

Tha toiseach an t-samhraidh 'na dheagh àm gu tòiseachadh air gabhail
MHIC-TALLA.

AN DA LEIGHEAS

AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,<gai>

H. D. Mac Ille-Mhaoil,

<eng>Stewartdale, C. B.

Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."

Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.

Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.

Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a

CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>

air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON.<gai>

DIOLLADAIREAN.

Sidni, C. B.

Tha sinn a cumail an aite so do

<eng>MACDONALD, HANRAHAN & CO.,<gai>

'Nuair a gheibh iad am bathar ur a stigh, bidh tuilleadh aca ri radh
ri 'n cairdean.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN

DOTAIR FHIACAL,

OIFIG-0s cionn Stor Harrington,

SIDNI, C. B.

[TD 345]

[Vol. 6. No. 44. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, <eng>29 APRIL, 1898. No. 44.<gai>

EACHDRAIDH NAN CAIMBEULACH.

(Air a leantuinn.)

Bha na Cùmhnantaich a' fulang gu mor eadar a' bhliadhna 1660 agus a bhliadhna 1688. Bha Caimbeulaich Earraghaeil a' gabhail taobh nan Cùmhnantach, 's bha 'bhuil, cha robh moran sith aca fhad 's bu bheò iad, agus dh' fhuiling iad-a mac 's an t-athair am bàs air an sgàlan. Bha am Marcus air a dhith-cheannadh, mar chaidh ainmeachadh, anns a bhliadhna 1661, agus a mac, ceithir bliadhna fichead an deigh sin, an 1685. Bha GILLEASBUIG, an t-oighre, anns an Olaind aig an àm anns 'n do chuireadh 'athair gu bàs. Cheannaich am Marcus, a sheanair, oighreachd bheag anns an dùthaich sin mar ionad-fasgaidh do 'n teaghlach ann an amaibh caraideach. Mar sin 'nuair thòisich obair a mhillidh air feadh Earraghael ann an coimhcheangal ri diteadh agus cur gu bàs an naoidheamh Iarla, bha 'n teaghlach nan dachaidh féin anns an tir ud. Bha cùisean a' dol air aghaidh an Alba gun mhoran abharraich gus a bhliadhna 1688, 'nuair chuir moran de mhaithean Alba agus Shasuinn cuireadh air Prionnsa <eng>Orange<gai> as an Olaind chum 's gu 'n gabhadh e riaghladh na dùthcha 'na làimh féin. Gu mi-fhortanach do na Stiubhartaich, bha iad ro-iarrtanach air an toil féin a bhi aca gu h-iomlan ann an riaghladh cùisean na rioghachd; agus bha Seumas II. buileach fada 'na cheann fhéin anns an dòigh so. Thionndaidh sud inntinn moran de 'n t-sluagh 'na aghaidh; agus 's e thainig as a sin gu 'n deach a chur deth 'n chathair agus Màiri (a nighean), agus a companach, a chur 'na àite. Am measg a mhuinntir a thainig a nall as an Olaind maille ri Prionnsa Uilleam, bha Gilleasbuig Lathairne. Ann an ùine nach robh

fada, an deigh an riaghladh ùr a bhi air a shuidheachadh anns an dùthaich, fhuair Gilleasbuig còir air fearann a shinnsir. B' esan an deicheamh Iarla. Goirid an deigh dha seilbh a ghabhail air caisteal aithrichean an Inbher-aoraidh, bha e air a chur do Lunnainn maille ri Sir Seumas Montgomery agus Sir Iain Dalrimple, 'chum crun Alba 'thairgse do Uilleam 's do Mhàiri ann an ainm maithean na tire. Chuir Earraghael fo mhionnan a chrùnaidh iad anns an dòigh Albannaich, agus an sin ghairm e iad, "Rìgh agus Bàr-rìgh Albainn." Rinneadh so air an aona là deug de 'n Ghiblein, 1689. An deigh sin thog Gilleasbuig réisimeid an Earraghael gu cogadh fo bhratach rìgh Uilleam ann am Flànraìs. Cha robh oifigeach innte ach Caimbeulach anns a cheud dol a mach. 'S e cuid de na saighdearan so a chaidh 'òrdachadh do Ghleann Comhan a mhort Chloinn Iain. Cha 'n eil sinn a' fòghlum gu 'n robh lamh aig Earraghael féin anns a ghnìomh oillteil so. Bha e aig an àm anns 'n do thachair e ann an Lunnainn. Ach ma bha fios aige gu 'n robh an ni a' dol a thachairt cha do chuir e bacail air. Bha e 'na ghnìomh cho gràineil ri ni air bith air a bheil iomradh againn an eachdraidh na Gàeltachd. Tha e na spot dubh air cliù na h-uile neach aig an robh làmh ann. Tha e air aithris nach do chuir na murtairean car ceart riamh dhiu, 's cha b' ioghnadh sin; bha 'n cogais fhéin ga 'n dìteadh ged chaidh iad as o pheanas dhaoine.

Beagan bhliadhnaichean mu 'n do chaochail rìgh Uilleam, bhuilich e air Gilleasbuig an tiodal, Diuc Earraghaeil, agus mar an ceudna Marcus Chinntire agus Lathairne. Bha e an caochladh dhreuchdan anns an rioghachd araon ri linn rìgh Uilleam agus ri linn ban-rìgh Anna. Is esan a fhuair còir air Muile bho 'n chrùn. Bha Sir Iain Mac Gilleain Dhùbhairt, dian air taobh rìgh Seumas. Chog e le chuid sluaigh an cath Coille Chragaidh fo chomannd Chlaverhouse. 'S e thainig as a sin gu 'n d' fhuair Gilleasbuig Earraghaeil òrdugh dol a null do Mhuile le armachd a thoirt aicheamhail dha. Agus 's e chrìoch a bh' aig a chùis gu 'n do thuit oighreachd Dhùbhairt agus gach oighreachd eile am Muile leis na Caimbeulaich.

Ri linn ban-rìgh Anna, bha Earraghael air a shònrachadh mar aon de na Cumhachdairean a bha suidheachadh am bonn air am faodadh pàrlamaid Alba agus pàrlamaid Shasuinn aonadh ri chéile. Ach chaochail e mas do ghabh an t-aonadh sin àite. Bha e pòsda ri Ealasaid, nighean do Shir Lionel Talmash, ann an Suffolk, an Sasunn, bho 'n robh triùir chloinne aige, dithis mhac agus aon nighean-Iain am mac bu shine, agus Gilleasbuig. Thainig iad aon as deigh aoin a stigh air oighreachd an athar. Bha Anna pòsda ri Seumas, dara Iarla Bhute. Chaochail Gilleasbuig ann an Lunnainn, anns a bhliadhna 1703. Ged bha e an inbhe àird anns an rioghachd, agus ged chuir an rìgh iomadh urram air, cha robh e na dhuine cho measail no cho cliùiteach na thir fhéin ris na daoine bho 'n d' thainig e, no ris na daoine a thainig a mach uaithe. 'S maith dh' fhaoidte gu 'n d' rinn gach trioblaid a thainig air an teaghlach, agus gach calltach a dh' fhuiling e, inntinn fhàgail greannach agus neo-earbsach na cho chreutair, agus mar sin gu 'n uibhir de spiorad a mhathanais aige ga altrum is bu chòir da, a thaobh na muinntir nach robh, faodaidh e bhi, ann a rùn math dha fein no do 'n uachdranachd da 'n robh e deanamh seirbheis.

(Ri leantuinn.)

AN COGADH.

Tha an cogadh air tòiseachadh a cheart da-rireadh, ach cha d' rinneadh a bheag fhathast air taobh seach taobh. Chuir na Stàitean àireamh shoithichean sìos gu Cuba, agus ghlac iad a dha no trì de shoithichean Spàinnteach a bha tighinn gu Cuba le bathar. Cha'n eil iad a' ceadachadh do shoitheach sam bith tighinn no falbh á Cuba; air an dòigh sin bheir iad air na Spàinntich géilleadh an ùine gun bhi gle fhada, oir cha'n eil iad air an càradh ro mhath a thaobh bidh no gu h-araid a thaobh guail. Loisg dainghneach Habhna air soithichean-cogaidh nan Stàitean oidhche Di-hadine s' a chaidh, ach bha astar chòig mìle eatorra, agus cha d'rinn na peilearan cron sam bith. Bha na Stàitean an dùil an toiseach arm a chur air tìr ann an Cuba, ach tha e coltach gu bheil an deigh sin a leigeadh seachad; bidh an dùthaich cho làn fiabhruis fad an t-samhraidh 's nach biodh ann ach am bàs cinnteach do na saighdearan a bhi innte. Cha'n eil teagamh mar sin nach ann air a' mhuir a bhios na cathan air an cur, agus ma's ann gheibh arm nan Stàitean buaidh gun àireamh mhor dhaoine chall. Bha eagal anns na Stàitean toiseach na seachdain so gu'n tigeadh luingeas na Spàinne air bailtean mora na dùthcha, mar a tha <eng>Boston<gai> agus <eng>New York<gai>, agus gu'n deanadh iad an sgrios, oir tha na bailtean sin gun dìon còir sam bith orra. Ach gu ruige so cha do nochd na Spàinntich iad fhéin faisg air na Stàitean idir. Tha cuid de rioghachdan na Roinn Eorpa gle shearbh an aghaidh nan Stàitean agus tha an Fhraing a' bagairt taobh na Spàinne a ghabhail, ach tha na rioghachdan eile deònach a' chùis fhagail eatorra féin. Ged a tha taobh mor aig Breatunn ris na Stàitean, cha cheadaich i ni sam bith a bhi air a dheanamh le a cuid iochdaran an aghaidh na Spàinne. Cha leig i le soitheach-cogaidh air taobh seach taobh fuireach ann am port a bhuineas d'i thar ceithir uairean fichead.

[TD 346]

[Vol. 6. No. 44. p. 2]

BAS MHIC UISNICH.

Ghabh rìgh uasal, oirdhearc, àrd-chumhachdach ceannas air Coigeamh Uladh. B'e ainm da Conchubar mac Feachtna Fhathaich. Chaidh an t-àrd rìgh calma Coigeamhach sin a' chaitheamh fleadh agus cuirme gu tigh a sgeulaiche fhéin d' am b' ainm Feidhlime, mac Doill. Is ann mar so a b' abhaist daibh caitheamh na cuirme anns an àm sin an Eamhuinn Mhacha. Bha oidhche àraidh suidhichte air gach duine fa leth, agus tigh sam bith anns am bitheadh a' chuirme, bhitheadh trì fichead agus a còig ann an oidhche sin. Bha mar so duine ann mu choinneamh a h-uile oidhche anns a' bhliadhna. Agus fad agus a bha iad ag caitheamh na cuirme, rugadh nighean òg do Fheidhlime, agus rinn Cathfach an draoidh fàidheadaireachd, (thachair da' bhith anns a' chuideachd

anns an àm) agus faisneachd a' thaobh na h-ighne, mar so, gu'n tigeadh iomadh doilgheas agus dochair do'n Choigeamh air a tailleadh. Air cluinntinn sin do na h-uaislean rùnaich iad a cur gu bàs gun dàil. "Na deanar sin," arsa Conchubar, "ach bheir mise leam i, agus cuiridh mi air oileamhuinn i chum agus gu'm bi i 'na h-aonamhnaoi agam fein." Ghairm an draoidh Cathfach Deirdre dhi; agus chuir Conchubar ann an dùn fa leith i, agus oide agus muime d'a h-oileamhuinn, agus cha ghabhadh fear sam bith de'n Choigeamh dol 'na làthair, ach a h-oide agus a muime agus ban-chaointeach Chonchubair fhéin, de'n goirteadh Leabharcham. Agus bha i air an dòigh sin gus an d' fhàs i 'na mnaoi, agus bha bàrr aice air mnathaibh a latha fein a thaobh bòidhchead.

Thachair d'a h-oide laogh a' mharbhadh mar bhiadh di air la sneachda; agus a' dòrtadh fola an laoigh anns an t-sneachd, chrom fitheach dubh airson a h-òl, agus an uair a thug Deirdre an aire da sin thubhairt i ri Leabharcham gu'm bu mhaith leatha fein fear a' bhith aice air am bitheadh na tri dathan sin a chunnaic i; dath an fhithich air fhalt, dath fola an laoigh air a ghruaidhean, agus dath an t-sneachda air a chraicinn." "Tha leithid sin a dh'fhear am fochar Chonchubair anns an teaghlach aige, ris an abair iad Naoise mac Uisnich, mac Chonaill Chlairingnich, mac Ruadhruidh mhoir, o'n d' thainig Conchubar." "Ma 's ann mar sin a tha," arsa Deirdre, "guidheam ort a chur do m' ionnsaidh fein gu h-uaigneach." Nochd Leabharcham do Naoise an ni sin. Thainig Naoise os iosal an dàil Dheirdre, agus chuir Deirdre an céill da meud na seirce a bha aice da, troimh an iomradh a chuala i air, agus dh' iarr i air a toirt air falbh gu diomhair o Chonchubar.

Dh'aontaich Naoise le sin ge bu leisg leis an gnothach agus eagal Chonchubair air. Thriall Naoise an sin agus a dhithis dearbh bhrathair, Ainnle agus Ardan, agus ceud gu leth gaisgeach comhla riutha gu Alba far an d'fhuairead iad o Rìgh Alba gabhaltasan-fearainn airson còmhnaidh-catha, gus an do rainig iomradh air sgèimh Dheirdre an rìgh, agus dh' iarr e mar mhnaoi da fein i. Ghabh Naoise fearg mor uime sin, agus air teicheadh da le Deirdre an deigh dhaibh iomadh sabaid a' chuir ri arm an Rìgh anns gach ait, thriall e le a bhraithrean o Alba gu eilean mara.

La araidh an deigh sin, dh' ullaicheadh fleadh moralach le Conchubar an Eamhuinn mhin-aluinn Mhacha; ionnus gu'm bu shugach, meanmnach, aighearach an sluagh uile. Dh'éirich luchd-ciuil, agus oranaichean, agus luchd-ealaidh a' Choigimh a' ghabhail an duan agus am fuinn agus an draoidheachdan-gheasa allail, an craobhan cleamhnais, agus an geugan ginealachd am fianuis an Rìgh agus mhaithean a' Choigimh.

Is ann an sin a labhair Conchubar le guth ard soilleir, glan, flathail agus thubhairt e; "Oigfheara agus a' mhaithe Ulaidh, an aithne dhuibh lochd no aineamh no uireasbhuidh oirbh fhéin a nis?" "Cha 'n aithne, a' rìgh agus a' thighearna," arsa iad. "Cha 'n ann mar sin domhsa," arsa Conchubar, "is aithne dhomh uireasbhuidh mhor oirbh, eadhon, tri lòchran gaisge nan Gàidheal a' bhith as ur n-eugmhais, tri mic uaisle curanta Uisnich, eadhon Naoise, Ainnle agus Ardan a' bhith am muigh air fogradh mar chomharra air aon mhna anns

an domhain agus gur i dlighe Naoise a' bhith 'na rìgh, agus gu'n do choisinn e fein agus a dithis dearbhrathair leth Alba le neart an lamhan agus le cruas an claidheamhan."

"A Rìgh agus a thighearna," arsa iad, "bhitheamaid air a radh o cheann fhada mur bu e an t-eagal; oir is ann a choisneadh an triùir sin Coigeamh Ulaidh uile an aghaidh gach Coigimh eile an Eirinn, ged nach eireadh na h-Ultaich leotha, oir is leomhan air neart agus air calmachd agus nathair air nimhe gach fear dhiubh." "Maiseadh," arsa Conchubar, "cuiribh-se fios agus teachdairean air an ceann gu Alba." "Co a theid 'gan iarraidh?" arsa maithean Ulaidh. "Tha fios agam," arsa Conchubar, "gur ann de gheasan Naoise a tha e, gun teachd gu Eirinn ach le Fearghus Mac Rosa Ruaidh, mac Ruadhruidh, no le Conall Cearnach, no le Cuchuilein; agus aithnichidh mi a nise cia aca so leis an annsa mi." Agus thug e leis Conall Cearnach air leith, agus thubhairt e ris, "A rìgh mhilidh, a' Chonaill, ciod e dheanadh tu rium nan cuirinn an coinneamh mhic Uisnich thu, agus am marbhadh air m' aire, ni nach 'eil mi an los a' dheamamh?" "Cha 'n e bas aon duine a' mhàin a thigeadh dheth sin," arsa Conall, "ach neach sam bith air am beirinn de na h-Ultaich, cha rachadh e uam gun bàs a dh'imirt air." "Is fìor sin," arsa Conchubar, "agus a nis tuigidh mi gur annsa leat clann Uisnich na mi fein."

Chuir e Conall uaidh, agus chuir e fios air Cuchuilein chuige; agus thubhairt e ris, "A' Chuchuilein, nan cuirinn an coinneamh chloinn Uisnich thu, gus am marbhadh air m' aire, ni nach 'eil dùil agam a' dheanamh, ciod e dheanadh tu rium?" "Bheir mi mo bhriathran," arsa Conchubar, "nan deanadh tu sin, ged rachadh tu gus na h-Innsean is iar, nach b' àite dìon dhuit e o thuiteam le mo làimh-sa airson a' ghnìomh sin." "Is fìor dhuit," arsa Conchubar, "tuigidh mi a nise nach ionmhuinn leat mi fein." Thugadh an sin Fearghus chuige, agus dh' fhoighneachd e dheth, "Ciod e dheanadh tu rium, Fhearghuis, nan cuirinn an coinneamh clann Uisnich thu, agus dùil agam ri am marbhadh, mar nach dean mi?" "Cha'n abrainn," arsa Fearghus, "gu'n cuirinn do chuid fala no do chuid feòla a' dhochainn, gidheadh, cha'n eil Ultach eile air am beirinn nach faigheadh bròn bàis agus beag-shaoghal uam." "Is fìor dhuit sin," arsa Conchubar, "is tu fein a theid ann; agus gluais romhad am màireach, oir is ann leat a thig iad, agus ag teachd air tìr dhuit an Eirinn an deigh teachd o Alba dhuit gabh gu tìgh Bhorraich mac Chainte; agus thoir bhriathran dhomh gu'n cuir thu clann Uisnich, gun fuireach, gun chumha, agus gun dìon gu Eamhuinn Mhacha an la thig iad gu Eirinn." An sin thainig iad a nios do'n tìgh-chuirme agus dh'innis Fearghus daibh gu'm b' e féin a bha dol air an turus sin. An sin labhair Conchubar ri Borrach mac Chainte agus thubhairt e, "A' Bhorraich, am bheil fleadh agad dhomh?" "Tha, gu deimhin," arsa Borrach, "ach cha b' urrainn domh a h-ìomchar ugad, ged a thainig leam a h-ùllachadh." "Maiseadh," arsa Conchubar, "thoir do Fhearghuis i air tìghinn o'n ear da, oir is ann de gheasaibh Fhearghuis a tha e gun fleadh a' dhiùltadh." Chaidh iad rompa an oidhche sin féin, agus dh'éirich Fearghus gu moch air la na màireach, agus cha tug e leis ach a dithis mhac féin, eadhon Iollann Fionn, agus Buinne Borb Ruadh, agus Cuillion fear na birlinn, agus a' bhirlinn féin, agus cha'n eil sgeul tuilleadh orra gus an d' rainig iad daingneach Mhic Uisnich,

eadhon Loch Eitche an Alba.

Is ann a bha Clann Uisnich agus tri bùithean seilge folaichte aca; agus a' bhùth anns am bruicheadh iad am biadh cha'n ann an sin a dh'itheadh iad, agus a' bhùth anns an d'ith iad, cha'n ann innte a chaidileadh iad. Chaidh Fearghus a dh'ionnsaidh a' ghlinne agus leig e glaodh rabhaidh guth-bhinn as, gus an do chluinneadh mu na criochaibh bu dlùithe da, mac-talla a' mhoir-glaoidh sin. Agus is ann a bha Naoise agus Deirdre aig an àm sin agus ceannchaomh Chonchubair, is e sin an taileasg, eatorra, agus iad 'ga h-imirt. Chuala Naoise an glaodh agus thubhairt e, "Cluinnidh mi glaodh Eirionnaich." Dh'aithnich Deirdre an glaodh, agus cheil i orra e. Leig Fearghus an dara ghlaodh, agus thubhairt Naoise a rithisd gu'm bu ghlaodh Eirionnaich e. "Cha'n e glaodh Eirionnaich, ach glaodh Albannaich a tha ann," arsa Deirdre. Leig Fearghus an treas ghlaodh, agus dh'aithnich iad uile gu'm b' e Fearghus a bha ann; agus dh' iarr Naoise air Ardan dol 'na choinneamh. An sin thubhairt Deirdre gu'n d' aithnich i féin a' cheud ghlaodh o Fhearghus.

[TD 347]

[Vol. 6. No. 44. p. 3]

"C'arson a cheil thu sin oirnn?" arsa Naoise. "Chunnaic mi aisling," arsa ise, "tri eòin ag teachd ugainn o Eamhuinn Mhacha agus tri balguim meala 'gan toirt leo ugainn agus 'gan fagail againn, agus tri balguim de ar fuil 'gam toirt leo uainn 'nan ionad." "Ciod e a' bhreith a tha agad air an aisling sin, a' nighean?" arsa Naoise. "Tha," arsa ise, "Fearghus a' teachd ugainn le teachdaireachd sith 'ga tairgseadh dhuibh, agus Conchubar air bhur tòir, agus air ti bhur dochair, oir is milse na mil teachdaireachd sith." "Eisd," arsa Naoise, "is fada tha long Fhearghuis anns a' phort; eirich, 'Ardain, air a cheann (is e sin, 'na choinneamh.)" Ghluais Ardan roimhe gus an do rainig e far an robh Fearghus agus thug e tri pògan da agus d' a mhacaibh. Thug e leis iad far an robh Naoise agus Deirdre agus Ainnle, agus thug iad pògan gu dileas agus gu togarrach do Fhearghus agus do a mhacaibh; agus dh' fhoighneachd sgeul Eirinn dheth, agus gu mor mhor sgeul Choigeamh Ulaidh. "Is iad na sgeòil is fearr againn," arsa Fearghus, "Conchubar 'gam chuir sa air bhur ceann le braighdean agus urrais sith, e fein a' bhith dileas tairiseach duibh, agus tha mo bhriathran ormsa na braighdean sin a' dhaingeachadh." "Cha dual daibh dol ann," arsa Deirdre, "oir is mo an tighearnas féin an Albainn na tighearnas Chonchubair féin an Eirinn." "Is fearr fradharc dùthchais na sin uile," arsa Fearghus, "oir cha'n aoibhinn do neach ge mor a rath agus inbhe mur faic e a dhuthaich gach la." "Is fìor sin," arsa Naoise, "agus is annsa leam Eirinn na Albainn, ge mor mo thighearnas an Albainn. "Is tearuinte dhuibhse mo bhriathran-sa agus mo ghill," arsa Fearghus. "Is tearuinte, arsa Naoise; ach cha'n ann do dheòin Dheirdre a thubhairt Naoise sin, agus bha i 'ga thoirmisg air Naoise dol gu Eirinn air eagal Chonchubair agus nan Ultach, oir bu dearbh leitha gu'm b'ann le rùn ceilge a chuir Conchubar Fearghus gan iarraidh. Thug Fearghus a bhriathran daibh, nam biodh fir Eirinn air los an dochair agus am

marbhadh nach bu daingeann daibh sgiath no claidheamh no cath-bharr (clogaid) uaidh fein. "Tha fhios sin agam-sa," arsa Naoise," "agus rachamaid leat." Ghluais iad rompa an deigh sin; agus cha'n eil sgeul ann ri aithris orra gus an do rainig iad tigh Bhorraich mhic Chainte. Agus dh' fheuch Deirdre thar a h-ais air chriochaibh na h-Alba, agus thog i an laoidh a leanas:-

Ionmhuinn leam an tir ud shoir
Alba con (le) a h-iongantaibh:
Cha tiginnn aisde gus a so,
Mur tiginn-sa le Naoise.

Ionmhuinn Dun Fiodha, 'us ionmhuinn Dun Fionn,
Ionmhuinn an Dun tha os an cionn;
Ionmhuinn Innis Droighin fos,
'S is ionmhuinn Dun Suibhne.

Coill Chuanna! A' Choill Chuanna,
Far am bheil na fuarain;
B'éibhinn bha mi ann an sin,
Le Naoise 'n oirthir Alba.

Gleann Caoin! A' Ghlinn Chaoin,
Chadlann ann fo m'earradh chaoimh;
Iasg, 'us sithionn 'us Saill bhroc,
B' iad mo chuid-sa an Glean Caoin.

Gleann Masain! A' Ghlinn Masain,
Ard a shealbhag, geal a ghasain;
Dheanamaid ar cadal corrach,
Os Inbher muingeach Mhasain.

Gleann Eitche! A' Ghlinn Eitche,
Thogadh leam mo chiad tigh innte;
B'aluinn a choille air dhomh eirigh,
'Nuair bhual a' ghrian air Loch Eitche.

Gleann Urchain! A' Ghlinn Urchain,
Sin an gleann tha direach dromchaoin;
Cha bu ullach fear de aoise,
Na Naoise an Gleann Urchain.

Gleann Da Ruadh! A' Ghlinn Da Ruadh,
Gradh mo chridhe' do'n fhear d' an dual;
Binn guth cuaiche os craoibh chruim
Air mi druim os Gleann Da Ruadh.

Ionmhuinn Innis Draighneach fos,
Bu gharbh bha a h-uisgeachan;
Cha tiginnn aisde gus a so,
Mur tiginn-sa le Naoise.

(Ri leantuinn.)

SGEULACHDAN ARABIANACH.

VII.—SINDBAD AN SEOLADAIR,

CAIB. XIV.

Cha robh teagamh agam nach b' e so an t-ait adhlacaidh aca, agus gu'n do ghiulain iad ann mi a chum gu'n tugadh iad orm a thuigsinn gu'm bu choir dhomh sgur a bhith 'g am marbhadh, o nach robh dhith orm ach am fiaclan.

Gun dail sam bith thug mi m' aghaidh air a' bhaile, agus an deigh dhomh a bhith coiseachd latha 's oidhche, rainig mi taigh mo mhaighistir. O nach do thachair aon elefant orm air an t-slighe, smaoinich mi gu 'n deachaidh iad gu math fada 'steach do 'n choille, agus mar sin gu'm faodainn tilleadh air ais do 'n bheinn gun fhiamh gun eagal.

Cho luath 's a chunnaic mo mhaighistir mi, thuirt e, "A Shindbaid bhochd, is ann orm a bha 'n dragh-inntinn mu d' dheidhinn. Bha eagal orm gu 'n d' eirich beud dhut. Bha mi anns a' choille, agus thug mi an aire gu'n robh craobh air a h-ur-spionadh as an talamh, agus fhuair mi am bogha-saighead agus na saighdean a bh' agadsa air an talamh faisge oirre. Bha mi 'g ad shireadh air feadh na coille gus an robh mi seachd sgith. Mu dheireadh thug mi duil thairis gu'm faicinn gu brath thu. Innis dhomh, guidheam ort, cia mar a sheachainn thu am bas."

Dh' innis mi dha a' h-uile car mar a dh' eirich dhomh, agus ghabh e ioghnadh gu leor; ach is gann a bha e 'gam chreidsinn.

Gu math moch 's a' mhadainn an la-iar-na-mhaireach, chaidh sinn le cheile do 'n bheinn, agus bha aoibhneas mor air an uair a chunnaic e gu'n robh an naigheachd a dh' innis mi dha fìor. Chuir sinn uiread 's a b' urrain i 'ghiulan de na fiaclan a bha sgaoilte air a' mhonadh air muin na h-elefant, agus thill sinn dhachaidh.

An sin thuirt e rium, "A bhrathair, o'n a fhuair mise doigh leis am bi mise gle shaoibhir, cha bhi thu 'na do thraill agam tuilleadh. Gu'n tugadh Dia dhut gach sonas agus soirbheachadh a chi e feumail dhut. Tha mi 'na lathair-san gu follaiseach a' toirt do shaorsa dhut. Cheil mi ort gus a so an ni a tha mi nis a' dol a dh' innseadh dhut.

"Tha daoine againn a sealg nan elefant a h-uile bliadhna 'chum gu'm faigh sinn na fiaclan aca; ach a dh' aindeoin cho tric 's a tha sinn 'gan cur air am faicill, tha na creutairean cuilbheartach so 'g am marbhadh. Shaor Dia thusa uapa. Tha so 'na chomharradh gu'm bheil tlachd aige dhiot, agus gu'm bheil do sheirbheis feumail dha anns an t-saoghal. Chuir thu fortan mor 'n am rathad-sa. Cha robh doigh againn roimhe so air ibhiri fhaotainn gun bheatha ar cuid sheirbhiseach a chur ann an cunnart. Ach a nis tha ar baile gu leir air a dheanamh saobhir air do shailleamh-sa. Na bi 'smaointean gu'm

bheil mise 'cumail am mach gu'm bheil thu air do lan-phaigheadh air son na rinn thu de mhath dhomh an uair a tha mi 'toirt do shaorsa dhut; bheir mi dhut mar an ceudna cuid mhath de shaoibhreas. Dh' fhaodainn 'toirt air muinntir a' bhaile gu leir fortan a chur cruinn dhut, ach cumaidh mi agam fhein an cliu air son so a dheanamh."

Mar fhreagairt do na briathran taitneach so thuirt mi, "A mhaighistir, gu'n gleidheadh Dia thu. Tha mi meas gu'm bheil mi paighte gu leor air son na rinn mi de mhath dhut an uair a tha thu toirt dhomh mo shaorsa. Cha 'n eil mi 'g iarraidh ort an corr a thoirt dhomh, ach a mhain gu'n leig thu leam tilleadh do m' dhuthaich fhein."

"Gle cheart," ars' esan; "an uair a thig soirbheas fabharrach, thig luingeas an so a dh'iarraidh ibhiri, agus faodaidh tu falbh dhachaidh ann an te dhiubh. Paighidh mi fhein d' fharadh dhachaidh."

Thug mi taing dha a chionn gu'n d' thug e dhomh mo shaorsa, agus gu'n do nochd e dhomh caoimhneas is curantas mor.

Dh' fhan mi comhladh ris gus an d' thainig na luingeis. Chaidh sinn iomadh uair do 'n bheinn a dh' iarraidh na h-ibhiri. Mu dheireadh lion sinn na taighean-stoir gu leir leatha.

Fhuair marsantan eile a' bhaile fios gu'n robh moran ibhiri anns a' bheinn, agus chaidh iadsan g' a h-iarraidh mar an ceudna.

Mu dheireadh thainig aireamh mhath luingeas do'n bhaile-phuirt. Rinn mi deiseil gus a dhol air bord anns an luing a roghnaich mo mhaighistir dhiubh. Leith-luchdaich e dhomh i le ibhiri. Chuir e biadh air bord dhomh, agus thug e dhomh mar an ceudna mar thiodhlac iomadh ni dhe na rudan bu luachmhoire agus a b' annasaiche a bha ri 'm faotainn anns an duthaich.

An uair a bha mi 'dol air bord, thug mi mile taing dha air son gach fabhar a rinn e rium.

(Air a leantuinn air taobh 350.)

[TD 348]

[Vol. 6. No. 44. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's

an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher ' Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, <eng>29 APRIL, 1898.<gai>

ONTARIO.

On chaidh roinnean Chanada 'nasgadh ri cheile ann an 1867, thainig Ontario air a h-aghaidh gu h-aluinn. Tha 'n t-ainm Ontario 'ciallachadh boidheach, agus da rìreadh, is boidheach Loch Ontario le h-uisgeachan glan, fallain, slainteil. Cha 'n 'eil aig dùthaich air bith air an t-saoghal lochan co mor, gasda, farsuing, domhainn 's a tha aig Canada. Is e Loch Superior locha's modha 'tha air an t-saoghal. Tha uisgeachan an loch so 'tighinn a nuas troimh Loch Huroin 'us Loch Erie, 's a tuiteam le fuaim 'us spionnadh uamhasach thairis uir Eas Niagara 's a ruigheachd Loch Ontario. Nochd na daoine gliocas sonruichte 'thug an t-ainm Ontario do 'n chuibhrionn aillidh de Chanada d' am b' ainm Canada Uachdrach roimhe sud. Is e Toronto baile mor Ontario. Cosmhuil ris an fhocal Ontario, is e ainm Innseanach 'tha ann an Toronto, 's tha e 'ciallachadh, "Craobhan anns an uisge." Is ann an Toronto 'tha tigh eireachdail Pàrlamaid Ontario. Tha oil-thighean lionmhor agus maiseach ann. Tha cuirtean arda 'n lagha ann mar an ceudna. Tha Ontario daonnan proiseil do bhrìgh gu robh 'us gu bheil aice daoine no fir-lagha comasach, foghlumte, onorach 'us dileas. Cha robh ach baile suarach ann an Toronto o chionn da fhichead bliadhna. Bha moran tuigse aig na daoine 'bha ann an Comhairle Thoronto, 's bha iad ag amharc fada air thoiseach orra 'n uair a thug iad cuideachadh faoilidh airgid do rathaidean-iaruinn a dh' fhosgail ionadan beartach mu thuath agus air an airde 'n iar do Thoronto. Is ann air an aobhar so 'tha malairt mor Ontario 'tighinn do Thoronto 's a' toirt maoin 'us stòras, 'us comhnaidh nach 'eil gann no faoin do 'n bhaile. Cha 'n 'eil clachan airson tighean a thogail pailt mu thimchioll Thoronto. Is ann de chlachan creadh, geal 'us dearg, a tha na tighean agus na sraidean air an togail. Tha sgil 'us tapaidh ealanta air an taisbeanadh ann an iomadh sraid ùr, shnasmhor ann an Toronto.

Is ann an crìochan Ontario tha Ottabha, baile mor na dùthcha. Bha iongantais air moran daoine gu deachaidh am baile so 'roghnachadh airson aite seasmhach do uachdaranachd 'us luchd-riaghlaidh Chanada. Bha, aig amannan roimhe so, Baile 'n Rìgh ann an Ontario, 's Toronto 'us am Baile Rìoghail-<eng>Montreal<gai>-'us Cuebec, a' toirt aoidheachd do Phàrlamaid Chanada uachdraich agus iochdraich. An uair a thainig an t-àm anns an robh e follaiseach gu leoir gu robh e iomchuidh gu bitheadh aon aite bunaiteach air a roghnachadh airson

riaghladh na dùthcha, bha stri laidir eadar cairdean Toronto 's Chuebeic. Cha b' urrainn do 'n Phàrlamaid tighinn gu cordadh air bith. On loisg daoine Mhointreail tigh na Pàrlamaid a bha anns a' bhaile so, le fearg 'us mi-run, am feadh a bha Morair Eilginn na ard-uachdaran ann an Canada, ('s is e duine tapaidh, teoma 'bha ann), cha robh aobhar air bith gu rachadh a' Phàrlamaid gu brath air a h ais do 'n Bhaile Rioghail. Mu dheireadh chaidh a' chuis a thabhairt gus na Ban rìgh, agus roghnuich ise Ottabha mar an t-aite 'b' fhearr 'us a bu fhreagarraiche airson aoidheachd sheasmhach, fhreagarrach a thoirt do Phàrlamaid 'us do riaghladh Chanada. Tha daoine Bhan-rìgh comhairle na Ban-Tighearna Head, agus gu do mhol a' Bhan-Tighearna so Bytown, no Ottabha, mar an t aite anns am bu choir do bhaile mor Chanada, le gach riaghladh 'us Pàrlamaid, a bhi air an suidheachadh. Tha frithean giuthais mu thimchioll a' bhaile so 'us mu thuath deth. Bha 'n giuthas aig aon àm pailt, reidh agus luachmhor. Co 'dh' innseas meud no àireamh an fhiodh ghasda, fhiachail a dh' fhag Ottabha bho cheann ceud bliadhna 's a ruig Cuebec agus a chaidh gu h-iomallan na talmhainn? Bha run aig moran do chairdean cumhachdach Chanada an àm nasgadh na roinnean, gu rachadh an Tigh Pàrlamaid ùr a thogail air comhnardan Abraham, faisg air baile Chuebeic, agus far an tug am feachd Breatunnach buaidh air na Frangaich, agus an d' fhuair Breatunn sealbh gu brath air Canada. Is ann an àite ard, flathail, uaibhreach a tha na Tighean Pàrlamaid air an suidheachadh ann an Ottabha. Tha iad da rìreadh, maiseach, ealanta, grinn agus foghainteach. On tha obair na dùthcha 'cinntinn gu luath, tha tigh ùr air a thogail a nis agus a rithist airson cothrom a thoirt doibhsan a tha 'deanamh seirbhis do 'n dùthaich air iomadh doigh. Is e baile mor, farsuing a tha 'nis ann an Ottabha, 'us chuidich a' Phàrlamaid leis gu h-anabarrach anns gach soirbheachadh a bhuineas da.

CONA.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.

Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.

Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa 'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$375 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

[TD 349]

[Vol. 6. No. 44. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Tha àireamh mhór de luchd-imrich a' dol a thighinn do Mhanitoba air an t-samhradh so, agus tha dùil ri barrachd mór fearainn 'sa b' àbhaist a bhi air a chur fo bharr. Tha na tuathanaich a nise 'tòiseachadh air a' churachd.

Tha an t-àrd riaghladh an deigh "bill" a thoirt air beulaobh na pàrlamaid air son cothrom a thoirt do luchd-taghaidh na dùthcha innse co-dhiu tha no nach eil iad deònach air bacail iomlan a chur air deanamh, reic agus ceannach stuth làidir ann an Canada. Cha 'n eil ni sam bith eile ri bhi air a chur an co-cheangal ris a' cheist sin.

Tha an Seanalair Gascoigne, a bha 'na ard chomandair air arm Chanada, an deigh an dreuchd sin a chur uaithe. Bha troimhe-cheile ann an àireamh de reiseamaidean air a' gheamhradh s'a chaidh, agus cha do choisinn Gascoigne moran meas dha fhein leis na doighean a ghabh e gu reit a dheanamh. 'Se sin a thug air comand' an airm a chur uaithe.

Thatar a' dol a thoirt an rathaid-iaruinn aig Sidni Tuath a stigh dh' ionnsuidh an uisge, agus tha laimhrig ri bhi air a togail aig am

faod soithichean luchd a ghabhail dìreach bhar nan carbadan. Tha an rathad an dràsda a' stad a muigh air cùl a' bhaile, agus tha e gle mhi-dheiseil, gu h-àraidh o'n thòisich an soitheach-smùide air ruith eadar am baile sin agus <eng>Newfoundland<gai>.

Thainig soitheach mòr gu ruige Halifax toiseach na seachdain so, agus naodh ceud 's leth "cheud 'sa ceithir de luchd-imrich aice air bòrd. Bha i a mach á Hamburg, 'sa Ghearmailt, agus bu Ghalatianaich a' chuid bu mhotha dhe 'n luchd-imrich. Tha iad ag radh gur daoine neònach iad, air an còmhach le còtaichean de chraicinn chaorach, 's taobh na clòimhe leth riutha. Bha iad uile a'r an t-slighe gu Manitoba, far am bheil àireamh de 'n luchd-dùthcha an deigh fearainn a thogail cheana. 'S e 'n soitheach air an d' thàinig iad, an dàrna soitheach bu mhotha 'thainig riamh a stigh do Halifax. Cha 'n eil i fada air deireadh air a "Ghreat Eastern."

Dh' aontaich Seanadh nan Stàitean a sheachdain gus a bhòn-dé, \$473,151 a phàigheadh do Bhreatunn, air son deanamh suas a' challa rinneadh air soithichean-iasgaich Chanada le cabhlach nan Stàitean ann an Cuan Behring 'nuair a bha iad a' dol ann a mharbhadh nan ròn. Dhiùlt iad an t-suim sin do Bhreatunn roimhe, ach air an turus so cha do thog aon duine a ghuth 'na aghaidh. Faodaidh luchd-riaghlaidh nan Stàitean a bhi gle neor-thaingeil 'nuair a tha iad aig sith ris a' chinne-daonna air fad, ach 'nuair a thig cogadh cha 'n eil toil sam bith aca bhi mach air Breatunn; 'si 'n caraid a's fhèarr a th' aca a dh' aindeoin gach càineadh a ni iad oirre air uairean.

Cha d' rinneadh ach gle bheag atharrachaidh air cisean na cusbuinn leis an àrd-riaghladh air an earrach so. Chaidh cisean an t-siùcair atharrachadh air dòigh 's gu bheil cothrom na 's fhèarr air a thoirt do mhuinntir nan Innsean an Iar na bha aca roimhe. Bha iad o chionn àireamh bhliadhnaichean air am milleadh gu mòr le siùcar na Frainge 's na Gearmailte. Tha na dùthchannan sin a' pàigheadh suim àraidh do luchd-deanamh an t-siùcair aca fhéin air son gach pùnd siùcair a chreiceas iad ann an dùthchannan céin. agus air sàileabh sin tha iad 'ga chreic ann an dùthchannan eile moran na 's saoire na tha iad 'ga chreic aig an tigh. Bha siùcar nan Innsean an Iar air an dòigh sin a' call a' mhargaidh, agus bha an sluagh a' fulang. Ach air a' bhliadhna so tha cisean Chanada a' toirt cothrom na 's fhèarr do shiùcar nan Innsean agus tha dùil ri deagh mhalairt a bhi eadar na h-eileanan sin agus an dùthaich so.

'Nuair a chi thu sanas o cheannaiche ann am MAC-TALLA, agus a theid thu a cheannach uaithe, na dean diochuimhn' air innse dha gu faca tu na chuir e anns a' phaipeir. Faodaidh tu mar sin cuideachadh nach beag a dheanamh leinne, agus cha chosg e sion dhut-sa.

Thatar a' togail baile Windsor gu bras, agus tha e gu bhi 'na bhaile briagha 'nuair a bhios e ullamh. Cha 'n eil fhios nach bi e fad air thoiseach air an t-seann bhaile. Chaidh moran airgeid a chur cruinn air son cuideachadh leis an t-sluagh, barrachd math 'sa bha dhith orra.

Tha ceann-suidhe nan Stàitean an deigh gairm a chur a mach air son sia fichead us còig mìle saighdear, gu dhol a chogadh as leth an dùthcha. Bidh aca ri bhì 'san arm gu ceann da bhliadhna, ma bhios feum orra. Cha 'n eil teagamh nach tairg an àireamh sin iad fhéin an ùine gle ghoirid.

Tha riaghladh nan Stàitean an deigh àireamh mhor de shoithichean a cheannach ann am Breatunn; tha na soithichean sin ri bhì air an armachadh 's air an cur a chogadh mar a bhios feum orra. Bha barrachd shoithichean a dhith orra 'sa b' urrainn daibh fhaotainn. Nì sin obair gle mhath ann am Breatunn air an t-samhradh so.

Fhuair fear Domhnullach marbh ann an tigh an àit' iomallach air eilean Anticosti, agus na h-uile choltas air gu 'm b' ann air a mhort a bha e. Bha a thigh mar an ceudna air a chreachadh, agus tha 'm fear a fhuair a chorp ag radh gu bheil e faisg air a bhì cinnteach gu 'm b' iad muinntir an ath bhaile a thainig ri beatha 'n duine bhochd. Tha fear-ceartais air a chur gu ruige 'n t-eilean á Cuibeic gus a' chùis a rannsachadh, agus gus na ciontaich a thoirt gu ceartas na gheibhear greim orra.

Oidhche Di-dònaich, an t-seachdamh latha deug dhe 'n mhios, spraidh factoridh fhùdair a bha faisg air bailtean Hull agus Ottawa. Cha do rinneadh cron air duine, oir cha robh duine timchioll aig an àm. Bha lasair mhor ann agus fuaim eagalach, agus bha daoine a bha 'fuireach mìle air falbh air an tilgeadh as an leapannan. Bha dorsan agus uinneagan air am bristeadh an t-astar ceudna air falbh. Chaidh uinneagan stòraichean a bhristeadh ann an Ottawa, faisg air trì mìle air falbh o'n àite 'san robh an spraidheadh.

Iadsan a Phaigh.

An t-Urr. D. B. Mac Leòid, Orwell, E. P. I.
A. D. Mac Leòid, Orwell, E. P. I.
Aonghas Brus, <eng>Grand View,<gai> E. P. I.
Niall Mac Leòid, <eng>Victoria, B. C.<gai>
I. D. Mac Phàrlain, <eng>Knappa, Oregon.<gai>
Bean Dhomhnuill Mhic Fhìonghain. <eng>Mooreton, N. Dak.<gai>
Niall D. Mac Iomhair, <eng>Graniteville, Vt.<gai>
An t-Urr. Coinneach Mac Coinnich, Halifax, N. S.
An t-Urr. Seumas Friseal, <eng>St Andrew's, N. S.<gai>
Domhnull Domhnullach, <eng>Pleasant Valley, N. S.<gai> 50c.
Floiridh Nic Fhìonghain, <eng>Livingstone's Cove,<gai> 25c.
J. L. Lister,, Fergus, Ont. 50c.
Uilleam Mac Coinnich, Duneideann, Alba.
Aathur Morgan, Duneideann, Alba.
Padruig Mac-an-t-Saoir, Duneideann, Alba.
Lachuinn Mac Fhìonghain, Acarsaid Mhargaree.
Iain Mac Coinnich, Gut Mhira.

BAS.

Ann an <eng>New Boston,<gai> air a 14mh latha dhe 'n mhios, an deigh moran tinneis fhulang re shia bliadhna, Anna Nic Amhlaidh, bean ghràdhach Ghilleasbuig Mhic Fhearghais, 64 bliadhna dh' aois. Bha i 'na màthair agus 'na mnaoi dhileas, chaoimhneil, 'na bana-Chriosduidh sheasmhach, agus 'na boirionnach a bha da rìreadh beusach. Dh' fhàg i dithis mhac, coignear nighean, a céile, agus àireamh mhor de chàirdean 's de luchd-eòlais gu bhi 'ga caoidh. Chaidh a tiodhlacadh ann an cladh Chatalone; lean àireamh mhor an giulan 'dh' ionnsuidh na h-uaghach.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaosg air laimh. Ma tha thu air son Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig Niall Mac Fhearghais, an Taillear, agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math. Cordaidh 'Obair Riut.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu

Suic agus Iarunn Cruinn, Creamers, Soithichean Bainne, Airneis-taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.

An Stor aig

<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>

SIDNI, C. B.

Gabh Deagh Chomhairle

agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho

<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn, agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle thoileach a shealltuinn.

[TD 350]

[Vol. 6. No. 44. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 347.)

Sheol sinn; agus cha b' urrainn mi gun bhith 'smaointean gu math tric air mo thurus do 'n aite, agus air an doigh anns an d' fhuair mi mo shaorsa.

Stad sinn car uine aig caochladh eileanan gu biadh is uisge a thoirt air bord. An uair a rainig sinn baile-puirt araidh a bh' air tir-mor nan Innsean, chaidh mi gu tir, agus thug mi leam gu tir an ibhiri agus gach ni eile a bh' agam air bord; oir cha robh toil agam a dhol air an luing do Bhalsora idir, air eagal gu'm faodadh long-spuinnidh tachairt ruinn.

Reic mi an ibhiri anns a' bhaile so, agus fhuair mi suim anabarrach mor air a son. An uair a cheannaich mi iomadh ni annasach a bha mi gus a thoirt do m' chairdean mar thiodhlac an uair a ruiginn dhachaidh, agus a fhuair mi gach deisealachd a bha dhith orm air son mo thurus, dh' fhalbh mi dhachaidh ann an cuideachd mharsantan a bha 'gabhail an aoin rathaid rium.

Bha mi uine mhor air an rathad dhachaidh; agus ged a dh' fhuiling mi sarachach is uidir gu leor fad an rathaid, ghiulain mi gu foighidneach leotha, o'n a bha mi saor o na cunnartan lionmhor a bha 'tachairt rium air na tursan eile a bha mi air falbh.

An deigh a h-uile sgios a dh' fhuiling mi, rainig mi Bagdad mu dheireadh gu sabhailte.

Gun dail sam bith chaidh mi far an robh 'n righ, agus dh' innis mi dha a h-uile car mar a dh' eirich dhomh. Thuirt e rium gu 'n robh e fo iomaguin mhoir mu m' dheidhinn o'n a bha mi cho fada gun tilleadh, agus gu 'n robh e an comhnuidh an dochas gu 'n gleidheadh Dia mi o gach cunnart.

An uair a dh' innis mi dha mar a thachair dhomh an uair a chuireadh a shealg nan elefant mi, ghabh e iognadh gu leor, agus mur b' e gu'n robh fhios aige nach innsinn breug, cha chreideadh e mi.

Leis cho math 's a chord mo naigheachdan ris, thug e ordugh gu 'm biodh iad uile air an sgrìobhadh, agus air an tasgadh gu curamach anns an taigh-ionmhais.

Thill mi dhachaidh, agus mi gle riarichte leis an doigh anns an do ghabh an righ rium, agus leis an urram 's leis na tiodhlacan a thug e dhomh. 'Na dheigh sin bha mi 'cur seachad na h-uine maille ri m' theaghlach, ri m' luchd-daimh, agus ri m' chairdean."

An uair a chuir Sindbad crìoch air na bh' aige ri innseadh mu dheidhinn mar a thachair dha air an t-seachdamh turus a bha e air falbh, thuirt e ri Hindbad, "Seadh, a charaid, an cuala tu mu neach

riamh a dh' fhuiling uiread 's a dh' fhuiling mise, no a chaidh troimh leithid a chunnartan 's a chaidh mise? Nach 'eil e reusanta, an deigh na chaidh mi throimhe, gu'm bithinn a nis a' caitheamh mo bheatha gu foisneach agus gu taitneach?"

An uair a thuirt e so, thainig Hindbad dluth dha, agus an uair a thug e pog dha laimh, thuirt e, "Tha mi ag aideachadh gu'n deachaidh sibh troimh chunnartan eagalach; ged a tha mo thrioblaidean-sa mor, cha'n 'eil iad ri bhith air an coimeas ris na trioblaidean troimh 'n deachaidh sibhse. Ma tha mise 'fulang amghair car uine, tha e 'na thoileachadh dhomh gu'm bheil fhios agam gur ann a chum mo bhuannachd a tha iad. Cha'n e mhain gu'n bheil sibhse airidh air a bhith 'caitheamh bhur beatha ann am fois 's an samhchair; ach tha sibh mar an ceudna airidh air an t-soibhreas mhor a tha sibh a' mealtainn, do bhrìgh gu'm bheil sibh a deanamh feum math dheth. Air an aobhar sin, guidheam dhuibh saoghal fada an deagh bheatha, agus bas sona."

Thug Sindbad dha ceud bonn oir eile, ghabh e e mar aon dhe 'chairdean, agus dh' iarr e air sgar dhe 'n phortaireachd, agus tighinn a h-uile latha comhladh ris thun a' dhinnearach, a chum gu'm biodh cuimhne aige air Sindbad, an Seoladair, fad uile laithean a bheatha.

(A' chrìoch.)

LITIR DEALACHAIDH.

Air samhradh na bliadhna 1892 bha Alasdair Mac-an-Tòisich anns an tigh-eiridinn am baile Bhoston, agus bha aige ri dhol troimh dheuchainn chruaidh, gun mor dhùil a bhi aige fhéin no aig na dotairean gu faigheadh e thairis air. Bha an litir a leanas air a sgrìobhadh leis gu bhi air a cur gu 'mhàthair an deigh a bhàis. Ach chaidh e am feobhas agus fad cheithir bliadhna bha e ann an deagh shlàinte. Air an darra latha de Ogust, 1896, thainig bàs gle aithghearr air; fhuair e marbh anns an leabaidh e air a thoirt air falbh le tinneas a' chridhe. Bha a chorp air a thoirt dhachaidh 's air a thiodhlacadh ann am Malagawatch, air an eilean so. Bha an litir a sgrìobh e ceathir bliadhna roimhe sin air a faotainn am measg a chuid phaipearan, agus chaidh a cur gu 'mhàthair. Chaidh a leughadh aig an tiodhlacadh, agus bha i mar gu,m biodh guth as an t-siorruidheachd. Theid iomadh bliadhna seachad mu'n teid na briathran air diochuimhn' orra-san a chual' an litir air a leughadh. Tha sinne 'ga clo-bhualadh air iarrtus aon de 'chàirdean:-

TIGH EIRIDINN BHOSTON,
Iulaidh 30, 1892.

A MHATHAIR GHRADHACH:-Tha mi 'dol a sgrìobhadh nan sreathan so a chionn gu bheil eagal orm gu'n tig mo bhàs gle throm oirbh. Tha fhios agam gu'm fairich sibh a' bhuille gle ghoirt, a chionn i bhi 'tighinn gun rabhadh- Tha Dia a' gluasad ann an doigh iongantach,

ach 'se 'n t-àm a dh' òrduich esan an t-àm a's fhearr. Ged a bhiodh tuilleadh bhliadhnaichean air an toirt dhomh, ma dh'fhaoidte gur ann a bhiodh iad 'nan aobhar bhròin dhuibhse agus dhòmhsa, agus tha mi làn striochte ri bhi air mo ghairm air falbh aig an àm so-ach gu bheil mi duilich a bhi dealachadh ruibh fein 's ri m'athair 's ri mo bhràithream 's ri mo pheathraichean Ach faodaidh sibh uile tighinn as mo dheigh, agus bidh mi an ùine ghearr maille ri mo phiuthair ghràidh a tha air a dhol a null romham. Tha mi air son a bhi air mo thiodhlacadh ri 'taobh.

Abraibh ri mo bhràithrean 's ri mo pheathraichean iad a dh' iarraidh air tùs rioghachd Dhe agus fhireantachd, agus gu'n cuirear gach ni eile riutha. Abraibh riutha cuideachd gu'n do dh'iarr mise orra iad cùram a ghabhail dhibhse agus dhe m' athair, 's gun iad a leigeil èis sam bith oirbh. 'Se so am fios mu dheireadh a dh'fhàgann aca.

Aig seirbheis mo thiodhlacaidh bu mhath leam iad a leughadh an ceathramh caibideal deug de Shoisgeul Eòin, agus dh'iarrainn air Iain Mac-an-Tòisich e leughadh nan ceithir roinn mu dheireadh de'n treas caibideal deug de shoisgeul Mharcuais mar mo bhriathran deireannach do chloinn na sgoil Shàbaid anns an Acarsaid Bhig.

Nise, 'mhàthair ghràidh, 'se so na tha mi 'g iarraidh a bhi air a dheanamh, agus tha mi 'guidhe oirbh gun a bhi ro dhuilich air mo shon. An ùine gun a bha fada thig sibhse cuideachd, oir thubhairt Iosa, "Far am bheil mise, bidh sibhse mar an ceudna-" Tha aghaibh fhathast gillean a's fhearr agus a's comasaiche air cùram a ghabhail dhibh na tha mise.

Ghuidh mi air Iosa a bhi maille rium anns an dachainn so, agus gheall e nach fàgadh 's nach treigeadh e am feasd mi. Iarraibh air mo chairdean uile gun iad a bhi ri bròn air mo shon-sa oir tha mi 'dol gu dachaidh a's fhearr. Ann an neamh shuas far an gràdh gach ni, cha bi gu siorruidh dealachach. Beannachd leibh, a luchd mo ghaoil, a mhàthair a bhràithrean 'sa pheathraichean.

ALASDAIR.

BEUL-AITHRIS.

Nuair a bha Caiptin Caimbeul Sgiobnes a' tional dhaoine ann an Cinntire mar shaighdearan airson Ghustabhus Adolphus na Suaine, thàinig Reisimid Sasunnach do'n àite far an robh e còmhuidh, agus aon latha air do Chauptin Caimbeul agus an t-oifigeach Sasunnach a bhi a' comhradh mu threubhantas nan Reisimidean aca, thoisich an Sasunnach air moladh coltas nan Saighdearan Gaidhealach. Fhreagair an caiptin e gu'n robh iad ceart cho math ri an coltas. "Am beil gu dearbh?" ars am fear eile, "tha agamsa aon saighdear a chuireadh an ruaig air tri de na daoine agad-sa." Cha do chord so ris a' Chauptin agus a' tionndadh mu'n cuairt thuirt e "A dhuine tha thusa cosmhail ris a' chorr de mhuintir do dhùthcha, làn uabhair agus ardain, ach mu am fàg thu so, leigidh mi fhaicinn dut, ciod a tha na Gaidheil comasach air a dheanamh. Tha agam-sa aon duine a chuireas an ruaig-

cha'n e air triuir-ach air deich de na Saighdearan agad-sa agus thu fein aig an ceann-tagh do dhuine agus taghaidh mise mo dhuine." Chuir gach fear diubh teachdaire airson a dhuine. Cha b'fhada gus an d' thàinig an saighdear Sasunnach 'nan lathair agus gu cinnteach bu e an ceathairneach e. "Cait am beil Ian dubh, mòr?" thuirt an Caiptin ri aon de na daoine aige, ach mu an robh am facal mu dheireadh as a bheul bha Ian 'na sheasamh fa chomhair. Chaidh facal no dhà a' labhairt eatorra; thionndaidh Ian a chomhlachadh an t Sasunnaich mhòir gun aige de dh' inneal-gleachd ach bata cruaidh daraich 'n a dhorn. Thug an Sasunnach suil

[TD 351]

[Vol. 6. No. 44. p. 7]

gle tharail air Ian agus cha 'n eil teagamh nach bitheadh e ag ràdh ris fein mar thuirt Goliah o shean ri Daibhidh "An cù mise gu'n tigeadh tu 'm aghaidh le bata?" Nuair a thàinig an dà laoch dluth ri cheile, thilg an Sasunnach smugaid an aodann a' Ghaidheil, agus ghabh e seachad. Ghabh Ian dubh an tamailt gu sìobhalta. Bha Ian dubh mòr an dà chuid ciotach agus fiar-shuileach agus nuair a chuir e e-fein an ordugh-catha le a bhata daraich 'na chiotaig, agus nuair a dh' amhairc e air an t-Sasunnach anns an aodann; chlisg an Sasunnach agus sheas e cho neo-ghluasadach ri iomhaigh -dh'fhàg an rughadh a ghruaidhean agus dh' fhas e cho geal ris an anart. Thug Ian brodadh da le a bhata, dh'fheuchainn am brosnachadh sin e a chum a chlaidheamh a thogail; ach thug an Sasunnach aon leum as-thionndaidh e a chùlthaobh air Ian-agus theich e. Nuair a chunnaic an t-Oifigeach Sasunnach mar theich a dhuine, ghabh e fearg, agus chuir e as a dheidh agus dh'fhoighnich e ris carson a thug e an tamailt so air an reisimid Shàsunnach le a chùlthaobh a thionndadh air duine neo-àrmachd mar a bha an Gaidheal. "Theich mi" ars an saighdear "a chionn a' chiad sealladh a fhuair mi de a aodann, bha fios agam gu'm bu duine marbh mi. Chaidh faisneachd a dheanamh domh nuair a bha mi òg, gu'm bithinn air mo mharbhadh le duine ciotach agus fiar-shuileach-agus is e sin an duine-cha teid mi idir a ghleachd ris." Ach b'fheudar do'n t-Sasunnach bhochd tilleadh air ais agus a chlaidheamh a thogail; agus is e bu chrioch da gu'n deachaidh a mharbhadh le aon sgailc de bhata daraich Iain mhòr agus mar sin bha an fhaisneachd air a comhlionadh

TRATHAN NA BLIADHNA.

"Rinn thu an samhradh agus an geamhradh."-Salm lxxiv: 17.

Rinn thu an samhradh. Is e Dia, mar an ceudna, ughdair gach soirbheachaidh. Ged dheasaicheas an tuathanach am fearann agus a chuireas e an siol ann, cha tig fochunn no toradh trom, liontach, tiugh, as eugmhais nam frasan blatha, ciuine. Ni dichìoll, 'us dealas, 'us durachd, moran gun teagamh, ann an gnothaichean saoghalta, agus is tric a tha daoine lamhach, easgaidh, aghartach, a' ruigheachd air inbhe uasal 's air soirbheachadh pailt, gidheadh

cha 'n eil ach sonas mealltach a' tighinn bho aimhnichean truailidh an t-saoghail so. Thugamaid fainear a' chrioch thursach, narach gus an d' thainig righrean amaideach nan Eabhruidheach, a shaoil, ann an ardan an spioraid, agus ann am morachd an neirt fein, gu robh gach eolas 'us tuigse aca fein as eugmhais stiuiridh an Tighearna Dia. Nach minic a dh' eirich gu h-olc daibh, an uair a dh' inntrig iad truscan ciar a' chomhraig an aghaidh feachdan meamnach an naimhdean. Nach iomadh bron, 'us tuireadh, 'us iarguin chraiteach a thug baoghaltachd nan uachdaran air na h-Eabhruich bhochda. An uair a rinn iad dearmad air stiuireadh an Tighearna iarraidh 's a leantuinn, cha do bhuaidhich iad thairis air an naimhdean, ni mo a phill iad gu 'n ionadan comhnuidh fein le caithream 'us iolach ard nan laoch. Le comhludar mi-naomha, mi-bheusach 'us ardanach, cha shoirbhich Dia am feasda. An dream a ghluaiseas gu geamnaidh, direach, coir, meallaidh iadsan soirbheachadh bunaiteach, tlachdmhor, oir rinn Dia samhradh do 'n duine ionraic, umhal, stuama.

Tha na deuchainnean leis a' bheil sluagh an Tighearna gu minic air am fiosrachadh a' coimhlionadh crich araidh ann an run diomhair an Tighearna; oir is e Dia a rinn an geamhradh. Is i an raidhe de 'n bhliadhna anns a' bheil dorchadas 'us dubhachas duaichni air sliabh ard 's air ailean iosal, air sgairneach nan clach 's air traigh nan tonn. Tha caochladh tiamhaidh a' tighinn anns a gheamhradh, air gach aighear, 'us gean, 'us toileachas a bhuineas do bhlaths min 'us malda 'n t-samhraidh. Tha gach lus a seargadh agus a' crionadh. Tha na craobhan a bha comhdaichte le deise co lurach re uine co fada 'crathadh an duillich diutha, 'us a' comhdach an lair leis na nithean ùrail, grinn a thug doibh boidhichead roimhe. Na sruthan a bha le torman ceolmhor a' ruith bho na h-aonaichean agus ann an slighean cam, lubach ag imeachd air feadh nam fonn 's nan achaidhean. Tha iad anns a gheamhradh a fas mall nan gluasad, agus gu minic tha 'n reis air a stad gu buileach. Air magh, air cluain, 's air achadh, cha 'n 'eil feur no arbhar, cha 'n 'eil asbhuan no pailteas r' am faicinn. Tha nadur fein sprochdach, smalanach an deigh pailteas mor an fhogharaidh agus gnuis thaitneach an t-samhraidh. Anns an t-sealladh so fein, anns an atharrachadh mhor a tha teachd a gheamhraidh fhuair 'ag oibreachadh air feadh an t-saoghail gu leir, tha samhladh laidir againn air sean aois maille ri trioblaid agus deuchainn.

RENA.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann

am baile Halifax tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 352]

[Vol. 6. No. 44. p. 8]

Eilean an Fhraoich.

GLEUS A.

A chiall nach mise
Bha 'n Eilean an Fhraoich,
Nam fiadh nam bradan
Nam feadag 's nan naosg
Nan lochan, nan òban,
Nan osan 's nan caol
Eilean innis nam bo
'Saite còmhnuidh nan laoch.

Tha 'n t-Eilean ro mhaiseach,
Gur pailt ann am biadh;
'S e Eilean a's àillt' air 'n
Do dhealraich a' ghrian;
'S e Eilean mo ghràidh-s' e,
Bha Ghàidhlig ann riamh;
'S cha 'n fhalbh i gu bràth
Gus an tràigh an cuan siar!

'N àm éiridh na gréine
Air a shléibhtibh bith'dh ceò,
Bith'dh a' bhanarach ghuanach
'S a' bhuarach 'n a dòrn
Ri gabhail a duanaig
'S i cuallach nam bò,
'S mac-talla nan creag
Ri toirt freagairt d' a ceòl.

Air feasgar an t-Samhraidh
Bith'dh sunnd air gach spréidh;
Bith'dh a' chuthag 'us fonn oirr'
Ri òran di fhéin;
Bith'dh uiseag air lòn
Agus smeòrach air géig,
'S air cnuic ghlas' 'us leòidean
Uain òga ri leum.

Na'm faighinn mo dhùrachd
'S e 'lùgainn bhi òg,
'S gun ghnòthach aig aois rium
Fhad 's a dh' fhaodainn bhi beò;
Bhi 'n am bhuachaill' air àiridh
Fo sgàil nam beann mòr',
Far am faighinn an càis'
'S bainne-blàth air son òl.

Cha 'n fhacas air talamh
Leam sealladh a's bòidhch'
Na 'ghrian a' dol sìos
Air taobh siar Eilean Leòghas;
'N crodh-laoidh anns an luachair,
'S am buachaill' 'n an tòir

'G an tional gu àiridh
Le àl de laoigh òg'.

Oran Duthcha.

LE IAIN MAC PHAIDEAN.

AIR FONN:—"Thug mi gaol do 'n fhear bhan."

SEISD—

Chi mi bhuam, fada bhuam,
Chi mi bhuam, ri muir-làn;
Chi mi Muile nam beann fuar,
Fada bhuam thar an t-sàil'.

Chi mi mullach nam beann mòr,
Anns an òg mhaduinn àidh,
An t-aon a's àirde dhiu na 'n còrr,
'S badan ceò air a bàrr.

Chi mi Dubhairt, chi mi 'n tùr,
Chi mi smùdan na dha;
Chi mi doireachan nan allt,
Spréidh nan gleann le 'n cuid àil.

Chi mi 'n Leitir taobh a' chaoil,
'Dh' fhas gun saothair nan làmh,
Chi mi 'ghucag air an fhraoch,
Chi mi 'n caorunn fo bhath.

Chi mi fìor-uisge nam beann,
Tigh'n na dheann leis gach mà;,
Airdnancros 'us Rugh'-nan-Gall,
'S bristeadh thonn air a thràigh.

Chi mi Treisinis nan sonn,
Lunga thall, creagach àrd,
Chi mi Calgairidh ri gréin,
'S boisc' mar reul o'n Tràigh-bhàin.

Chi mi bràigh Leac-a-lìth,
Chi mi Dinnseag 's a Geairn',
Beul Loch-Leamhain, eilein I,
A ghainibh mhìn ri muir-tràigh.

A' ghrian a' siaradh anns na speur
Cuan na réidhleoin cho seimh,
Rudh' Airdeallanais 'n ar déigh,
'S cobhar bréid-gheal o 'sàil.

Chi mi 'n aitreabh, chi mi chruach,
Ris na chuallaich mi 'n t-àl;
'S gu bheil cagar ann am chluais

O gach bruaich, air na bha.

Gu bheil cagar caidreamh binn,
'Thig a nios 'n uair a's àill;
Ged tha fios agam 'us cìinnt,
Riums' nach till iad gu bràth.

Tir a bharaich, tir nan stuadh-
'S tric a luaidh ort na bàird;
Car mar char air réir gach pong-
Thig gach rann dheth na àit'.

'N uair a thug mi riut mo chùl,
Rinn mi dùsgadh gu dàn;
'S dh' éirich m' fharmad ris a' bhruid,
'Bhios mu d' stùcan a tàmh.

Bidh mi 'sealltainn ris a' Chùirt,
'S bidh mi 'n dùrachd na dha,
'S bidh mi 'g altram tuille 's dùil,
Gu 'n thig cùisean ni 's fearr.

NADUR EILE.

Tha bean-uasal á Montreal a' sgrìobhadh:—"Tha K. D. C. an deigh m' fhear-pòsda a thoirt o bhi mi mhnathan gu bhi 'na dhuine caoimhneil, gràdhach." Cha 'n e mhain gu bheil esan a th' air fhàgail crosda, greannach, le droch stamaig, 'na shàruchadh dha fhéin, ach tha e na throm-uallach air feadhain eile. 'Sann gle ainneamh a gheibhear sonas còmhla ri neach air am bheil an tinneas so, agus bha lan aobhar aig a mhnaoi-uasail so air a bhi taingeil do K. D. C. air son a fear-pòsda a thoirt o bhi cho crosda ri mathan gu bhi 'na dhuine caoimhneil, gradhach. K. D. C. air son na stamaig, agus <eng>K. D. C. Pills<gai> air son a chuim.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.—agus—<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

Tha sinn a cumail an aite so do

<eng>MACDONALD, HANRAHAN & CO.,<gai>

'Nuair a gheibh iad am bathar ur a stigh, bidh tuilleadh aca ri radh
ri 'n cairdean.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a

CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>

air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>

DIOLLADAIREAN,

Sidni, C. B.

[TD 353-360]

[No. 45 a dhìth]

[TD 361]

[Vol. 6. No. 46. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 13 MAIGH, 1898. No. 46.

TRIOBLAID NA H-AIRDE 'N EAR,

Tha 'n saoghal troimh a cheile gu muladach agus gu h-eagalach aig an
àm so fein. Faodar a radh gu do bhrìst cogadh a mach eadar na
Stàidean agus an Spàinn. Is e doigh bhruideil, bhochd a tha ann an
cogadh airson cuisean a reiteachadh, agus airson ceartas a dhion
agus fhaotainn. Tha cogadh, leis gach leon 'us marbhadh a tha dluth-
cheangailte ris, a' dol calg-dhireach an aghaidh gach soluis, 'us
ceartais 'us ionracais, a bu choir a bhi air an nochdadh 's air an
cur gu feum measail, samhach anns an linn fhoghlumte, eireachdail

anns am bheil sinn a lathair. Ged tha aimhreit ann an Cuba, cha bhuin Cuba do na Stàidean. Co thug dhoibhsan ughdarras air <eng>America<gai> mu thuath gu h-iomlan? Tha aobhar tuille 's laidir aig na Spàinntich a bhi 'g radh gur iad daoine 'tha 'chomhnuidh anns na Stàidean fein agus fo thearmunn na h-Iolaire, 'tha 'fadadh suas daonnan aramaich 'us comhstri ann an Cuba, 's a tha 'sgaoileadh sgeil uamhasach air feadh an t-saoghail mu dheibhinn nan lochdan 'us a gheur-leanmhuinn a tha na Cubanaich a' fulang. Tha na Seanairean a thog an guth gu h-ard, fuaimneach anns na Staidean airson cogadh millteach a dheanamh an aghaidh nan Spainnteach, gu tur aineolach air gach trioblaid, 'us uamhas, 'us dortadh fala 'tha leantuinn stri nan lann anns gach linn 'us aite. Ma bha na Stàidean air an cradh gu goirt do bhrìgh gu bheil aimhreit ann an Cuba, bha doighean cneasda, neo-fhuileachdach eile aca trid am faodadh iad crìoch a chur air aramach Chuba, gun cogadh idir a bhi aca leis na Spàinntich d' am buin an t-eilean miriaghailteach so.

Tha cogadh a' dol air aghaidh ann an roinnean deas na h-Eiphit. O cheann deich bliadhna co dhiu, bha 'n Soudan agus na daoine truagh aig am bheil an dachaidh ann, air an cradh 's air an ciuireadh gu goirt 'us gu h-an-ìochdmhor, le ceannardan iargalta Arabianaich agus leis an fheachd bhorb a tha 'g an leantuinn. Chaill an Eiphit ann an laithean Arabi 's ann an àm a h-airc, a cumhachd gu buileach anns na roinnean farsuing a tha air an taobh deas di. Cha 'n ann gun chogadh 'us gun mharbhadh a bhitheas comas aig ceannard no aig uachdaran air bith air lamh an uachdair fhaotainn air na fineachan garga 'tha 'gleidheadh an t-Soudain ann an staid bhronach, bho chd. Is maith agus is ro-mhaith a tha 'n ceannard Eirionnach foirmeil Citchener, a' deanamh ann am buaidh an deigh buaidh fhaotainn le faobhar geur a' chlaidheimh air na daoine alluidh a tha 'cumail an t-Soudain fo 'n casan. Fhuair e buaidh iongantach bho cheann seachduinn no dha air Mahmoud, aon de cheannardan fiadhaich an t-Soudain. Dh' imich Citchener agus a shaighdearan fichead mìle ann an dorchadas na h-oidhche gus an d' ruig iad daighneach a' cheannard Mahmoud. Rinn iad prìosanach de Mhahmoud. Ghleachd e fein agus 'fheachd gu dalma, dana, gaisgeil. Bha feachd Chitchener ann an uidheam ghasda, agus ged a' b' eigin doibh gleachd gu duineil, ladarna, curanta, fhuair iad buaidh fa-dheoidh, air luchd-millidh an t-Soudain agus air luchd-foirneirt na h-Eiphit mu dheas. Tha na h-Eiphitich iad fein a' deanamh saigheadaran gasda, 's bho stiuradh nan ceannard Breatunnach tha iad 'nochdadh eud, 'us fulangais, us gaisge nach eil gann no faoin anns a' chogadh a tha 'n Eiphit a' cur airson a roinnean deas a thabhairt air an ais gu 'riaghladh 'us a h-ughdarras fein a rithist. Tha Citchener, -ged tha 'n t-slighe 'nis fosgailte dha gu Cartoum, on tha e co glic, comasach, faicilleach, -a deanamh moille gus an eirich uisgeachan na Nile, agus gu bi comas aige mar so air a longan cogaidh agus a shaighdearan easgaidh a thoirt suas gu Cartoum. On tha neart 'us spiorad an namhaid a nis briste, cuiridh gun teagamh, an ceannard dealasach Citchener crìoch gu brath air gach uachdaranachd aingidh, bhorb, bhreun, a thug an t-Soudan gu h-ìnbhe iosal, chraiteach, mhuladach. Bithidh Cartoum agus an dùthaich fharsuing a tha mu 'thimchioll, ann an uine ghearr bho riaghladh a Mhorair Chromair, am Breatuunach stuama, glic, cumhachdach a tha 'stiuradh gnothuichean na h-Eiphit gu h-iomlan. Tha Citchener, an

ceannard ciuin, gleusda, tapaidh, aghartach, airidh air cliu 'us onoir mhor, agus bheir cairdean lionmhor na h-Eiphit taing 'us moladh da rìreadh dha, airson a ghniomharan treubhach, neo-fheineil, mhearganta.

Cha 'n eil sinn a' cluinntinn uireid 's a b' abhaist duinn mu dheibhinn nan Turcach 'us an Sultain uaibhrich, neo-chneasda, alluidh. Ged tha e gun iochd, no trocair, is e trusdair carach, seolta 'tha ann. Chuir e, ach beag, crìoch gu buileach air na h-Armenianaich thruagha, air chor 's nach eil comas tuille aige air a naimhdeas mosach 's air a thnu fheargach a dhortadh a mach air na Criosduidhean ud. Is maith a chaidh aige air rioghachdan bosdail na Roinn-Eòrpa 'chur 'g an dubhlann. Rinn rioghachdan na Roinn-Eòrpa farum uamhasach agus strailleadh fhuaimhneach le 'n cabhlach an uiridh mu thimchioll Chrete, eilean a tha gun tamh ann an aimhreit, cosmhuil ri Cuba ann an <eng>America<gai> mu thuath. Ged rinn luchd-riaghlaidh na Roinn-Eòrpa dealas statail, anabarrach le 'n longan troma cogaidh, agus ged a thog iad guth buailteach, ard, gu cuireadh iadsan ann an uine ghearr crìoch air aimhreit Chrete 's air mi-riaghailt nan Turcach anns an eilean, agus gu cuireadh iad ceannard ùr, onorach, uasal thairis air daoine gluasadach Chrete, thainig a' bhliadhna 'n uiridh gu crìoch agus tha ceithir mìosan de 'n bhliadhna ùr so seachad, 'us cha 'n eil uachdaran nuadh comasach fathast air a roghnachadh airson sith, 'us seasgaireachd, 'us ceartas, 'us sonas a thoirt do Chrete 's do na daoine trioblaideach a tha 'g aiteachadh an eilein thoraich, bhoidhich, iomraitich so.

CONA.

EACHDRAIDH NAN CAIMBEULACH.

Air a leantuinn.

Thainig IAIN, an dara Diùc, thun na h-oighreachd an àite 'athar, anns a bhliadhna 1703. Cha robh e aig an àm sin ach trì bliadhna fichead a dh' aois. Tha iomradh air an duine so an eachdraidh na rioghachd mar neach aig an robh ard bhuidhean inntinn. Na latha fhéin cha robh 'san tìr bho cheann gu ceann na bheireadh bàrr air mar fhear-cogaidh gaisgeil air blàr a chatha, agus mar fhear-tagraidh an ard chomhairle na rioghachd. Tha cuimhne air fathast fo 'n ainm, an Diùc Mór, am measg nan Gall. A measg a mhuinntir féin an Earraghael, theirte gu cumanta Iain Ruadh ris. Cha robh e ach seachd bliadhna' deug 'nuair a chaidh e mach 'na chòirneal air ceann réiseamaid anns a chogadh mu dheireadh a bha aig rìgh Uilleam. Ri linn bàn-rìgh Anna, dh' eirich e thun na h-inbhe 'b' àirde anns an arm. 'Nuair thainig Seòras I. a dh' ionnsaidh na rìgh chathrach an deigh bàn-rìgh Anna anns a bhliadhna 1714, bha gluasad nach bu bheag air feadh na rioghachd. Bha na Seumasaich gle làidir anns an dùthaich, agus cha robh

(Air a leantuinn air taobh 364.)

[TD 362]

[Vol. 6. No. 46. p. 2]

SGEULACHDAN ARABIANACH.

Na Tri Ubhlan.

CAIB. II.

Thionndaidh an rìgh ris an duine òg, agus thuirt e, "Achreutair thruaillidh, ciod e 'thug ort an cionta graineil ud a chur an gnìomh? Agus ciod e 'tha toirt ort a bhith cho deonach am bas fhulang air a shon?"

'A cheannaird nan creidmheach," ars' esan, "nam biodh gach nì a bh' eadar mise agus a' bhean-uasal ud air a chur sìos ann an sgrìobhadh, bhiodh e 'na eachdraidh a bhiodh 'gle fheumail do dhaoine eile."

"Tha mi 'g ordachadh dhut an eachdraidh innseadh gun tuilleadh dalach," ars' an rìgh.

Mar umhlachd do'n rìgh thoisich an duine òg ri innseadh na h-eachdraidh mar a leanas:-

"A cheannaird nan creidmheach, b' i a' bhean-uasal a mhort mi, mo bhean fhein. B' i nighean bhrathar m' athar-nighean an t-seann duine so a tha sibh a' faicinn comhladh rium. Cha robh i thar da bhliadhna dheug an uair a phos mi i, agus tha aona bliadhna deug o'n uair sin. Fhuair mi triuir mhac uaipe, agus tha iad fhathast beo. Agus feumaidh mi radh le firinn nach d'thug i riamh an t-aobhar oilbheum bu lugha dhomh. Bha i banail, agus gle mhaiseach 'na giulan, agus rinn i gach nì a ghabhadh deanamh gus mo thoileachadh. Agus air mo shon fhein dheth, bha gradh mòr agam dhi, agus b'e mo mhiann a thoileachadh anns gach doigh, agus gach nì a b' aill leatha thoirt dhi.

O chionn da mhios dh'fhas i tinn. Ghabh mi curam mòr dhi, agus fhuair mi gach nì a shaoilinn a bhiodh feumail a chum slainte a thoirt dhi. An deis dhi a bhith mìos tinn, thoisich i ri dhol na b' fhèarr, agus bha toil aice 'dhol do 'n taigh-fharagaidh. Mu'n d' fhalbh i, thuirt i rium gun robh miann aice air ubhlan. "Nam faigheadh tu feadhainn dhomh," ars' ise, "bhithinn fada 'na d'chomain. Tha miann agam orra o chionn fada; agus feumaidh mi aideachadh, mur faigh mi iad gun dail, gu'm bheil eagal orm gu'n eirich mi-fhortan air choireiginn dhomh."

"Le m' uile chridhe," arsa mise, "nì mi gach nì 'nam chomas a chum do thoileachadh."

Gun dail sam bith dh' fhalbh mi feuch am faighinn ubhlan dhi; agus cha d' fhag mi maragadh no buth anns a bhaile gun siubhal 'g an iarraidh, ach cha 'n fhaighinn a h-aon ged a bha mi 'tairgseadh bonn oir air son a h-uile te. Thill mi dhachaidh agus mi gle mhi-

thoilichte a chionn nach deachaidh mo ghnothach leam. Agus an uair a thill mo bhean as an taigh-fharagaidh, agus a chunnaic i nach robh ubhlan agam dhi, dh'fhas i cho neo-fhoiseil 's nach d' rinn i norradh cadail an oidhche sin.

Dh'eirich mi gu math moch 's a' mhadainn agus chaidh mi air feadh nan garaidhean gu leir; ach cha robh dad agam air son mo shaoithreach. Ach thachair seana gharadair rium a dh'innis dhomh nach robh ubhlan ri'm faighinn na's lugha na gheibhinn iad anns na garaidhean agaibh fhein, a righ, ann am Balsora.

O 'n a bha gradh mor agam do m' mhnaoi, agus air eagal gu'n saoilleadh i gu'n robh mi suarach m' a deidhinn, thog mi orm, agus, an deigh dhomh a ni a bha 'nam bheachd innseadh dhi, dh'fhalbh mi gu ruige Balsora a dh' iarraidh ubhlan. O'n a bha cabhag orm, cha tug mi ach coig latha deug eadar falbh is tighinn. Cha d' fhuair mi ach tri ubhlan, agus thug mi bonn oir an te orra. O nach robh ri fhaighinn ach na tri, cha tugadh an garadair dhomh iad na bu shaoire.

Cho luath 's a thainig mi dhachaidh thug mi na h-ubhlan do m' mhnaoi. Ach o'n a bha miann nan ubhlan air falbh dhi, cha d' rinn i ach breith orra as mo laimh, agus an cur ri' taobh. Bha a tinneas 'g a leantuinn agus cha robh fhios agam ciod e an doigh air am faighinn leigheas dhi.

Beagan laithean na dheigh so bha mi 'nam shuidhe anns a' bhuthaidh far an robh mi reic a h-uile seorsa bathair a's luachmhoire na cheile, agus thainig duine-dubh cho granda 's a chunnaic mi riamh a steach far an robh mi agus ubhal aige na laimh. Dh' aithnich mi gur e te dhe na h-ubhlan a thug mi a Balsora a bh'ann, oir bha fhios agam nach robh aon ubhal ri fhaotainn ann am Bagdad, no ann an aon dhe na garaidhean. "Innis dhomh," arsa mise, "c'aite an d'fhuair thu 'n ubhal sin."

Rinn e gaire, agus thuirt e, "Fhuair mi e o mo leannan. Chaidh mi dh'amharc oirre an diugh, agus gu cinnteach cha robh i air a doigh. Chunnaic mi tri ubhlan ri' taobh, agus dh' fheoraich mi dhi c'aite an d' fhuair i iad. Thuirt i rium gu'n deachaidh am fear a tha posda rithe gu ruige Balsora g'an iarraidh, agus gu'n d' thug e coig latha deug eadar falbh is tighinn. Ghabh sinn biadh comhladh, agus an uair a bha mi 'gabhail mo chead dhi, thug mi leam an t-ubhal so."

Chuir na briathran so bhar mo shiuil mi buileach glan. Dhuin mi 'bhuth, agus ruith mi dhachaidh cho luath 's a b' urrainn dhomh, agus an uair a chaidh mi do'n t-seomar anns an robh 'bhean, sheall mi feuch am faicinn na h-ubhlan. Cha robh ann ach an dithis, agus dh' fheoraich mi dhi ciod a dh'eirich do'n treas fear. Thionndaidh mo bhean a h-aghaidh an taobh a bha na h-ubhlan, agus an uair a chuunaic i nach robh ann ach an dithis, fhreagair i mi gu leith shuarach, agus thuirt i, "Cha'n 'eil fhios agamsa ciod a dh'eirich dha."

An uair a chuala mi so chreid mi gu'n robh an naigheachd a dh'innis

an duine-dubh dhomh fìor gu leor. Aig an am bha mi air a' chaothach dhearg le eud, agus thug mi lamh air an sgian a bha fo m' chrìos, agus ghearr mi an sgornan aice- "Na dheigh sin thug mi dhith an ceann, agus ghearr mi i 'na ceithir cheathrannan. Agus an uair a phaisg mi ann an aodach i 's a chuir mi ann am bascaid i, agus an uair a thainig an oidhche, dh'fhalbh mi leis a' chiste air mo ghualainn, agus chuir mi fodha anns an amhainn i.

Bha'n dithis a b' oige dhe 'n chloinn 'nan cadal, ach bha am fear bu shinne am muigh; agus an uair a thill mi fhuair mi e 'na shuidhe aig a' gheata, agus e sìor chaoineadh. An uair a dh' fheoraich mi dheth cìod a bha 'cur dragh air, thuirt e, "Athair 's a' mhadainn an duigh, thug mi leam gun fhios do m' mhathair an treas fear dhe na h-ubhlàn a thug sibhse uice, agus chum mi e uine mhath, ach an uair a bha mi cluichadh air an t-sraid comhladh ri mo bhrathair mu aird-fheasgair, thug duine-dubh a bha 'dol seachd as mo laimh e. Ruith mi as a dheigh agus dh'iarr mi air an t-ubhal a thoirt dhomh. Agus a bharrachd air sin, dh' innis mi dha gur ann le m' mhathair a bha e, agus gu'n robh i 'na laidhe tinn, agus gu'n deachaidh sibhse a dh' aon ghnòthach a dh'iarraidh nan trì ubhlàn dhi, agus gu'n d' thug sibh coig latha deug eadar falbh is tighinn; ach ged a dh'innis mi so dha, cha tugadh e dhomh an t-ubhal air ais. Agus o 'n a bha mi 'g a sìor leantuinn, agus mi 'caoineadh, thionndaidh e agus ghabh e orm, agus ruith e air falbh cho luath 's a b' urrainn da, gus mu dheireadh an deachaidh e as mo shealladh. Tha mi o'n uair sin a' coiseachd an taobh am muigh dhe 'n bhaile an duil gu'm faicinn a' tighinn sibh a chum gu'n iarrainn oirbh gun innseadh-sibh do mo mhathair gu'n d' thug mi leam an t-ubhal, air eagal gu'n cuir e dragh oirre."

An uair a thuirt e so, thoisich e ri caoineadh na bu ghoirte na bha e roimhe.

Chuir briathran mo mhic dragh thar tomhas orm. Chunnaic mi gu'n robh mi ciontach de ghnìomh a bha uamhasach graineil. Agus bha aithreachas mòr orm a chionn gu'n do chreid mi na breugan tuaileasach a dh'innis an duine-dubh, dhomh, agus a thog e air mo mhnaoi air bhonn nam briathran a dh'innis mo mhac dha.

Anns an am thainig brathair m' athar a dh'fhaicinn a nighinn; ach an aite a faotainn thuig e o na labhair mi ris gu'n robh i marbh; oir cha do cheil mi nì sam bith air. Agus gun feitheamh gus an geur-chronaicheadh e mi, dh'aidich mi 's a' mhionaid 'na lathair, gur mi duine cho ciontach 's a th'air uachdar an t-saoghail.

An uair a chuala e an aidmheal a rinn mi, an aite bagradh orm gu geur, mar a dh' fhaodadh e dheanamh, is ann a thoisich e ri gul 's ri caoidh comhladh rium. Bha sinn a' gul maille ri' cheile fad trì latha gun stad. Bha esan a' gul a chionn gu'n do chaill e nigheam a bha caomh, ionmhuinn leis aig gach am, agus bha mise 'gul a chionn gu'n do chaill mi bean do'n robh gradh mòr agam, ach a chuir mi fhein gu bas ann an doigh chruaidh-chridheach, do bhrìgh gu'n d'thug mi creideas do naigheachd bhreugaich a dh'innis traill de dhuine-dubh dhomh.

So ma ta, a cheannaird nan creidmheach, aidmheil fhior mar a dh'aithn sibh dhomh a

[TD 363]

[Vol. 6. No. 46. p. 3]

dheanamh. Chuala sibh a nis gach ni mu thimchioll na cionta a tha 'nam aghaidh, agus tha mi gu h-umhail a' guidhe oirbh gu'n ordaich sibh peanas dligheach a dheanamh orm air a shon. Ciod air bith cho trom 's a bhitheas e cha ghearain mi air.

Chuir na dh'innis an duine og dha ioghnadh mor air an righ. Ach air dha bhith 'na righ cothromach, bha e na bu deonaiche truas a ghabhail de'n duine og na 'dhiteadh gu bas.

"Tha cionta an duine oig so," ars' esan, "mor da rireadh; ach bheir Dia mathanas dha, agus is coir do dhaoine mathanas a thoirt dha mar an ceudna. Is e an traill aingidh bu mhathair-aobhair air a' mhort-is esan na 'aonar air am feumar peanas a dheanamh. Air an aobhar sin, ars' esan, 's e 'g amharc air an ard-chomhairleach, tha mi 'toirt dhut uine thri latha gu greim a dheanamh air; agus mur toir thu 'nam lathair-sa e anns an uine sin, cuirear thu fhein gu bas 'na aite."

Ged a bha duil aig Giafar bochd gu'n robh e 'mach a cunnart, bha e fo iomacheist ro mhor an uair a thug an righ an t-ordugh ur so dha; ach cha bu dana leis freagairt a thoirt air an righ, oir bha lan fhios aige gu'n robh e gle chas. Dh'fhalbh e a lathair an righ, agus thill e dhachaidh fo bhron 's fo lionn-dubh-agus e 'g a dheanamh fhein cinnteach nach robh de shaoghal aige ach tri latha, oir bha e cho cinnteach 'na inntinn fhein nach fhaigheadh e greim air an traill 's nach d' rinn e farraid sam bith m' a dheidhinn.

"Am bheil e comasach," ars' esan, "gu'm faighteadh forofhais air an fhear a tha ciontach am measg nan ceudan a tha dhe cheart sheorsa ann am Bagdad? Mur e toil Dhe an traill a chur 'nam rathad mar a rinn e air a' mhortair, cha'n 'eil e 'n comas dhomhsa mo bheatha 'shabhaladh."

Chuir e seachad a' cheud da latha ri bron 's ri caoidh maille ri 'theaghlach, agus ri gearain air cho cruaidh 's cho mi-reusanta 's a bha ordugh an righ. An uair a thainig an treas latha, thoisich e ri deanamh deiseil air son a' bhas. Bha e 'na dhuine a bha ceart, cothromach, dileas 'na dhreuchd, agus o'n a bha sith cogais aige, cha robh eagal air am bas 'fhulang. Chuir e fios air sgrìobhadairean agus air fianuisean a chum gu'n deanadh e 'thiomnadh 'n an lathair. 'Na dheigh sin, ghabh e 'thead de'n mhnaoi 's dhe'n chloinn, agus dh'fhag e beannachd aca. Bha'n teaghlach gu leir cho tuirseach 's cho deurach 's gu'n cuireadh iad mulad air duine sam bith.

Mu dheireadh thainig teachdaire o 'n righ a dh'innseadh dha gu'n

robh e gabhail fadachd nach robh e cluinntinn guth uaithe mu thimchioll an duine a dh'iarr e air a ghlacadh. "Tha e air aithneadh dhomh," ars' an teachdaire, "do thoirt an lathair an rìgh."

Rinn an t-ard-chomhairleach deiseil gu falbh comhladh ris an teachdaire; ach an uair a bha e 'dol am mach as an taigh, thugadh a nighean a b' oige, aois choig bliadhna na lathair a chum gu'm fagadh e aice a bheannachd dheireannach.

Bha gradh mor aige air an leanabh so, agus ghuidh e air an teachdaire cead a thoirt dha stad mionaid a bhruidhinn rithe. Rug e oirre agus phog e i caochladh uairean. Thug e an aire gu'n robh ni eiginn aice 'na h-uchd as an robh faileadh cubhraidh.

"Ciod a th' agad 'na d' uchd a ghaoil," ars' esan.

"Tha ubhal," ars' ise, "air am bheil ainm an rìgh sgriobhte. Thug ar seirbhiseach, Rìhan, dhomh e air son da bhonn oir."

Ri leantuinn.

A MEASG TUATH NA GAIDHEALTACHD.

LE UILLEAM MAC COINNICH, RUN-CHLEIREACH CUIRT-AN-FHEARAINN.

EARRANN I.

(Air a leantuinn.)

Co-cheangailte ris na h-ainisgean tha rìnn is facail mu àitean is mu fhineachan. 'So beagan diubh mu aitean agus bidh mi fada 'n comain duine sam bith a chuireas an corr diubh thugam:-

ILE.

"An uair a threigeas na duthchasaich Ile, beannachd le sìth Alba."

"Na'm b' eileanach mi gun b' Ileach mi,
'S na'm b' Ileach mi, bu Rannach mi."

Thug Ileach turus uair-eigin gu Lag-a'-Mhuilinn, far an d'fhuair e cus ri 'òl. Seo mar thubhairt e-

"Lag-a'-mhuilinn, lag mo dhunach,
Lag bu duilich fhàgail."

MUILE, &C.

"Cha'n 'eil an cùil no 'n cuilidh
Nach fhaic sùil a' Mhuilich;
'S cha'n 'eil ain aird no 'n ìosal
Nach laimhsich lamh an Ilich,
Na ghoideadh a' Muileach

Ghrad sgrìobadh an Collach uaithe e;
Ach is mairg a dh'earbadh a chuid no anam
Ris a' chealgair Bharrach."

"Muilich is Ilich is Deamhain;
'S miosa am Muileach na 'n t-Ileach;
'S miosa 'n t-Ileach na 'n Deamhan."

"Cha'n fhaic a' Muileach nach sanntaich a' Muileach;
Na shanntaicheas a' Muileach goididh an Collach;
'S na ghoideas an Collach cuiridh an Tirisdeach am folach!"

"Slìop a' Muileach is sgrìobaidh e thu,
Sgrìob a' Muileach is slìopaidh e thu."

"Ged a bhiodh tu cho carach ris a' Mhuileach gheibhear a mach thu."

TIRIDHE.

Tirisdeach an cead na cuideachd."
Their cuid na "cearcan mara" ris na Tirisdich.

BARRAIDH IS UIBHIST.

"A' spleògair Barrach, 's am bleidire Baoghalach."

"Staoinebrig na stamh,
Aite 's miosa mogh
Gus an ruig thu Thogh."

Tha Staoinebrig 'na àite clachach, ach ma's fhior gur h-e fear a
mhuinntir a' bhaile sin a thubhairt-

* Bha am paipeir so air a leughadh air beulaobh Comunn Gàilig
Ghlaschu, air an 29mh latha dhe 'n Mhàrt, 1898.

"Och is och 's mi gun chlach
'S mi air mol Staoinebrig!"

Tha iad a' cantuinn gur h-i "Kirsty Bhornish," Ban-Uibhisteach a bha
ainmeil 'na latha fhein, a rinn an rann so-

"Is iomadh fear buidhe
'Na shuidh' ann an Uibhist
Nach itheadh na h-uibhean
'S a' Charghus,
A rachadh do 'n aonach
'S a ghoideadh as caora
Ged chroichte le taod
No le cainb e!"

"Am Baoghal leomach 's am Barrach bleideil;

An sgeigire Barrach 'sam bleidire Baoghallach."

AN T-EILEAN-SGIATHANACH.

"Ceilidh nam ban Sleibhteach."

"Sleibhte riabhach nam ban boidheach."

"Faochagan an t-Srath is mnathanShleibhte."

"An Srath-Fhionghuinneach geal

'S an grinnè beus gun smal;

An Srath 's an cruaidhe clach

'S an sgaitiche cù ls bean."

"Cha'n 'eil maide cáim na dìreach nach fhaigh feum an Ròg."

"Siadar sin is Siadar,

Cha do chinnich duine riabh ann;

'S ged is lionmhor do chnocan

Leaghaidh do chuid mar am fiar ann."

LEODHAS.

"Fir a' Chladaich 's bodaich Nis;

Daoine uaisle Uige."

"Sùlairean sgìre na h Uidhe,

'S muinntir aoidheach nan Loch."

COMHAL.

"Comhal chreagach nan daoine bradach."

Tha muinntir Chòmhair a' deanamh mach nach eil sin ceart, agus gur ann mar so a tha am facal-

"Colla chreagach nan daoine bradach."

LOCH-ODHA.

"Eireachdas mnathan Loch-Odha

Am breid odhar a thionndadh."

DUN-OLLaidh.

"Dun-Ollaidh nam breacagan tana tolla,

Dùn is eidhionn air aodann

Dun gun aoradh gun onoir."

GLEANN-NIBHEIS

"Gleann-nibheis, gleann nan clach,

Gleann 's am bi 'n gart anmoch,

Gleann cumhang, gleann fàs,

Gleann dubh, fada, fiadhaich, grand,

'S am beil sluagh a' mhi-ghnàis,
Gleann ris na chuir Dia a chul-
Amar sgùrainn an domhain mhoir."

AIRD-GHOBHAR.

"Mu theid thu dh' Aird-ghobhar
Far am bi 'n ganntar,
Far an ithteadh na gobhair,
Mu'm feannt' iad;
Na taghail 's a' Chùil no 's a' Chill,
Na taghail an Salachan nan creag
'S tha Inbhir-Sannda air bheag bìdh."

GLEANN-EILG.

"Eilginneach nan casan caola."

"Oisg Eilginneach le earbul buinneach."

BAILTEAN LOCH-AILLSE.

"Drumbuidhe nan deargad,
Earbusaig nan con cloimheach,
Airdeilbh an eorna,
Is pailisean Bhaile-mhic-ara."

"Baile na bochdainn-Ploc Lochaillese."

(Air a leantuinn air taobh 366.)

[TD 364]

[Vol. 6. No. 46. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's
an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an
aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi
an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,

Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 13 MAIGH, 1898.

(Air a leantuinn o thaobh 361.)

tlachd air an t-saoghal aca de 'n Ghearmailteach Seòras. Bha iad 'ga mheas 'na an-shealbhadair, no mar neach dha nach buineadh crùn na rioghachd. Air ball chuir iad rompa ionnsuidh gharbh a thoirt air Seumas Stiùbhart fhaotainn air a chrùn mar rìgh Seumas III. an Sasuinn, no Seumas VIII. an Alba. Bha na Gàidheil air am bonn. Chruinnich deich mìle saighdear Gàidhealach gu bratach Iarla Mhairr, ullamh gu cogadh an aobhair Sheumais. Bha Diùc Earraghael aig an àm 'na àrd-chomann-dair air arm a chrùn an Alba. Shuidhich e champ ann an Sruileidh, a cumail a shùil air Marr. Cha robh aige fo a chomann ach mu choig mìle fear cogaidh. Choinnich an da arm a chéile air Sliabh-an-t-Siorraimh. Thainig Marr le chuid Ghàidheal, mar dhaoine fo 'n a chaothach, a nuas air sgiath thoisgeil an airm Shasunnaich, ga 'n cur, cha mhor, á cochall an cridhe. Thug luchd nan cotaichean dearga an cùl do luchd nam breachdan, 's thar iad as gu Sruileadh. 'S ann fo chomann Seanailear Witham, Sasunnach air choir eigin, a bha 'chuid so de 'n arm dhearg. Bha sgiath dheas an airm fo chomann Diùc Earraghael. Bhuail iad fhéin 'us sgiath thoisgeil feachd Mhairr a chéile le dian-theas; bha gach taobh cho diorrasach. Bha fuil bhlàth nan Gàidheal nan cuislean le chéile. Ach fhuair Earraghael buidheann de eachraidh a chur mun cuairt cùl cnuic 's tighinn air na Seumasaich bho 'n cùl-thaobh. Ann am platha fhuair siad iad fein eadar da theine; b' fheudar teicheadh. Lean an t-arm dearg iad gus an deach iad a null air abhainn Allain. Sin mar chaidh latha Sliabh-an-t-Siorraimh. Chaill agus bhuainig an da thaobh. Thugadh an cath so air an treis la deug de Nobhember, 1715. Uine ghoirid an deigh so, thainig Seumas féin air tir aig Ceann-Phàdraig, an ceann a tuath Alba. Bha sùil aig a chàirdean ri arm làidir Frangach a bhi maille ris; ach an àite sin thainig e gun arm 's gun airgiod, ni a thug leagadh mor do dh' inntinn a luchd-leanmhuinn. Bha ullachadh air a dheanamh ann am Peirt air son a chrùnadh. Ach bha Earraghael a sior chruinneachadh airm agus a dlùthachadh air Peirt. Theich Seumas gu Montrose, agus as a sin shiol e féin us Marr do 'n Fhraing. 'S ann mar sin a chrìochnaich aramach 'nan coig bliadhna deug.

Ann a bhliadhna 1718, bhuilich an rìgh an tìodal Diùc Ghreenwich air Earraghael, agus uaithe so gu àm a bhàis, bha e caochladh uairean na Thainistear 'nuair bhiodh an rìgh bho 'n tigh. Thainig Seòras II. thun na rìgh chathrach anns a bhliadhna 1727. Ri linn-san bha Iain Ruadh na Mharshal Machrach, <eng>(Field Marshal), <gai> air Breatuinn. Chaochail e anns a bhliadhna 1743, aig aois trì fichead bliadhna 'sa coig. Bha mor ionndrain air anns gach ceairn de 'n rioghachd. Bha e air adhlacaidh anns an Abaid-an-Iar, an Lunnainn. Tha clach-chuimhne Diùc Iain air a comharrachadh a mach do luchd-turuis mar aon de 'n fheadhainn is maisiche anns an Abaid.

Bha e pòsda da uair; an toiseach ri nighean do Iain Mac Ille-Dhuinn,

an Lunnainn. Cha d' fhag i clann aige. Phòs e a ris Sine Warburton, te de na Maighdeannan-Comhailteachd, aig bàn-rìgh Anna. Bha coignear nighean aige uaithe. Thaobh 's nach robh mac aige thainig a bhràthair,

GILLEASBUIG, a stigh na àite mar an treis Diùc. Rugadh Gilleasbuig ann an Sasunn, anns a bhliadhna 1682. Fhuair e fhoghlum ann an Oil-thigh Ghlaschu. 'Nuair dh' fhag e 'n colaisde, ghabh e anns an arm. Fhuair e oifig còirneal fo Dhiùc Marlborough, anns a chogadh Fhrangach, ri linn bàn-rìgh Anna. Sud an cogadh anns na choisinn Breatunn <eng>Gibraltar.<gai> Ann an aon bhaiteal mor a thugadh an Flanrais <eng>(Flanders),<gai> chaill na Frangaich coig mìle deug duine, agus còrr is ceud bratach. Mhair an cogadh uamhasach so naoidh bliadhna, gus na chuir sith <eng>Utrecht<gai> crìoch air. 'S iomadh cogadh fuilteach a bha eadar an Fhraing agus Breatunn anns na linntean a dh' fhalbh. Ach sheas iad guala ri guala ann an cogadh Rusia-cogadh air a bheil cuimhne aig iomadh neach a tha beò fathast. 'S e Uaterloo a bhuille mu dheireadh a thug iad an aghaidh a chéile. Gu ma fada 'bhios a' chùis mar sin eatorra. Bheir sinn iomradh air a chuid eile de bheatha Ghilleasbuig anns an ath earrainn.

(Ri leantuinn.)

Fhuair cuideachd a' ghuail òrdugh o chionn ghoirid air son deich mìle tuna guail. Bha ainm na feadhach a bha 'ga cheannach air a chumail an cleth aig an am, ach fhuair e a mach an ceann beagan lathaichean gu'm b'e riaghladh na Spainne a bha g'a iarraidh, agus chaidh an gual a dhiùltadh. Bha fathunn a dol mu'n cuairt toiseach na seachdain gu robh cabhlach na Spàinne gle fhaisg air an eilean so, ach cha robh sin ceart.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

[TD 365]

[Vol. 6. No. 46. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Chaidh soitheach-seòlaidh d' am b' ainm an <eng>"Crown"<gai> a chall a mach a <eng>St. John's, Newfoundland,<gai> toiseach na seachdain s'a chaidh. Bha aon duine deug air bòrd, agus chailleadh iad air fad. Dh'fhàg a h-uile duine dhiubh bean agus teaghlach.

Bha droch theine ann an Truro a sheachdain gus an dé. Chaidh an ffactoridh anns am biodhte 'sùghadh a' bhainne 'na teine, agus loisgeadh gu làr i. Tha an call gle mhor, agus tha na tuathanaich timchioll air a bhaile a' call creic a' bhainne gus am bi an ffactoridh air a togail as ùr.

Thainig còrr us leth-cheud Frangach a mhuinntir <eng>Nova Scotia<gai> dhachaidh as na Stàitean aon latha air an t-seachdain s'a chaidh. Bha iad ag radh nach b'e 'n t-eagal a bha 'gan cur dhachaidh idir, ach gur ann a bha iad a' tigh'n a choimhead an càirdean. Bha 'chuid imrich aig gach fear dhiubh.

Bha sia fichead duine 'sa deich air an t-soitheach-smùide "Bruce" a' tighinn a stigh gu Sidni Tuath Di-màirt s'a chaidh, 's chaidh iad air adhart air a' charbad-'iaruinn a mhaduinn sin. Tha iad uile a' dol gu ruige <eng>Crow's Nest Pass,<gai> far am bheil rompa dhol a dh'obair air an rathad-iaruinn a thatar a' cur air adhart an sin.

Tha fear d'an ainm <eng>Williamson<gai>, ann a Halifacs, ri bhi air fheuchainn aig a' Chùirt Mhóir air son bristeadh air gealladh-pòsaidh a thug e do nighinn d'an ainm Mairi Anna Chraven. Bha <eng>Williamson<gai> pòsda ri te eile, ach chum e sin an cleth oirre-se, agus gheall e a pòsadh. Bidh daoine gle thoileach fhaighinn a mach gu de dh'éireas dha.

Bha Daibhidh Doleman agus a mhac air am bàthadh ann an Brighton, N. S., o chionn da sheachdain air ais, 's iad a mach a' cur thrapaichean air son glacadh ghiomach. Chaidh iad a mach 'sa mhaduinn Di-satharna, agus cha'n fhacas tuilleadh iad. Fhuair eadh mirean de na bhàta air eilean beag a tha faisg air an aite 'san robh iad ag obair.

Am measg na feadhach a fhuair a bhi 'nan fir-lagha ann an oil-thigh Dhalhousie air an earrach so bha aon duine dubh, a' chiad fhear a ràinig an inbhe sin ann an <eng>Nova Scotia<gai> riamh. Cha'n eil lagh no cleachdaidhean na dùthcha so a' cur bacadh air duine dreuchd sam bith is urrainn dha a thoirt a mach, ge b'e dé 'n sluagh dhe bheil e, no ge b'e dé an dath a bhios air a chraiceann.

Chaidh bàthadh muladach a dheanamh ann an Kentville, N. S., toiseach na seachdain s'a chaidh. Bha nighean d' am b' ainm <eng>Ida Hiltz<gai>, còmhla ri piuthar us bràthair dhi a mach le bàta, agus air dhaibh a bhi 'g atharrachadh àiteachan-suidhe, chuir am bàta car dheth, agus bha iad uile air an tilgeadh dh' an uisge. Chaidh aig a' ghille, aois da bhliadhn' deug, air e-fhein 'sa phiuthar a b' òige a shàbhaladh, ach mu'n d' fhuair e dhol a chuideachadh a phiuthar bu shine, bha i air a bàthadh. Bha i mu ceithir bliadhna fichead a dh' aois.

Tha sgeul bho chd air tigh'n a Madagasgar. Tha gorta measg an t-sluaigh, agus moran dhiubh air bàsachadh le cion bidh. Tha biadh dhe gach seòrsa cho gann 's cho daor 's gu bheil an sluagh bochd a' tigh'n beò air friamhaichean a tha iad a' cladhach anns a' choille, agus cha chum iad sin suas iad ach ùine gle ghoirid. Tha moran de 'n t-sluaigh air bàsachadh, agus tha chuid a's motha de na tha beò air an lagachadh gu mor leis an acrac, agus mur cuirear biadh g' an ionnsaidh cha'n urrainn dhaibh a bhi fada gun a dhol bàs mar a rinn càch. Is ann aig an Fhraing a tha seilbh air Madagascar o chionn àireamh bhliadhnaichean, ach, a reir coltais, cha'n eil i a' deanamh moran cuideachaidh leis an t-sluaigh anns an éigin 'sa bheil iad aig an àm so.

AN COGADH.

Bha batal mor air a chur ann an acarsaid Manila, ceanna-bhaile nan eileanan Philipeach, air latha Bealltuinn. Chaidh luingeas chogaidh nan Stàitean a stigh do'n acarsaid mu bheul an latha, agus thòisich am blàr. 'S iad na Spàinntich a loisg an toiseach, ach a reir sgeòil cha robh iad a' deanamh cuimse ro mhath, agus rinn soithichean nan Stàitean milleadh mor orra. An deigh dhaibh a bhi 'g obair fad thri

uairean, chaidh soithichean nan Stàitean air an ais gus cothrom a thoirt do na daoine am biadh maidne a ghabhail. Mu mheadhon latha, chaidh iad air adhart agus thòisich iad a rithist. Lean iad gus an robh na soithichean Spàinnteach uile air an tur mhilleadh. Bha àireamh dhiubh air an losgadh, agus bha cuid air an tolladh cho dona leis na peilearan 's gu'n deach iad fodha. Lean cuid dhe na saighdearan Spàinnteach air losgadh cho fad 'sa dh'fhuirich na soithichean air uachdar an uisge. Chaill na Spàinntich ceithir soithichean deuga, agus bha sia ciad de'n cuid saighdearan air am marbhadh 's air an leonadh. Cha do chaill na Geancaich soitheach idir, agus cha do mharbhadh duine; cha deach a leòn ach sianar, agus cha d' rinneadh ach gle bheagan millidh air an cuid shoithichean. Bu bhlàr iongantach e. Cha d' rinneadh a bheag uaithe sin. Thainig fios air an t-seachdain so gu robh cabhlach na Spàinne, a bha air an Atlantic, air a dhol air ais do'n Spàinn; tha e mar sin coltach gu bheil iad a' leigeil dhiubh cogadh ris na Stàitean air an taobh so dhe'n chuan, agus mar sin feumaidh na Stàitean an leantuinn a null. Tha òrdugh air a thoirt do arm-mara nan Stàitean ionnsuidh a thoirt air Cuba agus Porto Rico a thoirt a mach toiseach na seachdain s'a tighinn.

'Chaochail an t-Urr. T. H. White, D. D., ann an Shelburne, N. S., far an robh e 'na mhinisteir air an eaglais Shasunnaich fad thri fichead bliadhna 'sa dha. Bha e mios thairis air ceithir fichead bliadhna 'sa dha dheug a dh'aois; bha e ann an deagh shlàinte riamh, agus b'e droch cnatan a ghabh e a dh' aobharaich a bhàs.

Cha'n eil na h-uiread sluaigh air an turus dh ionnsuidh a' Chlondaic aig an àm so 'sa bha ann mu mheadhoin an earraich. Tha daoine mar gu'm biodh iad a' smaoineachadh nach eil an t-òr buileach cho pailt ann 'sa bha 'san ainm, agus ged a bhitheadh gu'm bu daor an ceannach dhaibh fhaighinn. Bha òr air fhaotainn ann an cearnan eile dhe 'n t-saoghal roimhe so, agus 's iomadh duine bochd a chaill a bheatha a' feuchainn ri saibhreas a dheanamh. Cha'n eil teagamh nach bi an ceart ni fìor mu'n Chlondaic.

BAS.

Ann an <eng>New Canada,<gai> faisg air Hogomah, air maduinn na Sàbaid, an ochdamh latha dhe'n mhios, Caitriona Ghillios, bean ghràdhach Aonghais Mhic Fhionghain, tri fichead bliadhna 'sa seachd a dh' aois.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu

Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-
taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle
thoileach a shealltuinn.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN agus BROGAN.

Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn 'g an
creic
SAOR! SAOR!
<eng>JOST BROS.<gai>

[TD 366]

[Vol. 6. No. 46. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 363.)

LOCH-CARTHONN.

"Fhad 's a' bhios maide 's a' choill
Bios an fhoill 's a Charthonnach."
"An Carthonnach 's an car ann."

CINN-T-SAILE.

"Cinn-t-Saile nam bodach 's nam bò."
"Cho fad 's a bhios monadh an Cinn-t-Saile,
Cha bhi Mac-Coinnich gun àl 's a Chrò."

EARRANN II.

Facal no dha mn na fieachan a nis.

“An t-Uasal Leathanach is an Ceatharnach Raonallach.”

‘Buidheachas do Dhia is Leathanach mi.”

“Ged tha mi bochd tha mi uasal–Is Leathanach mi.”

“Leathanach gun bhòsd; Dòmhnallach gun tapadh; Caimbeulach gun mhòrchuis.”

Theireadh na Leathanaich, “An cinneadh mòr is am pòr tubaisdeach,” riutha–fhéin ’nuair thòisich na Caimbeulaich air faighinn làmh–an–uachdar orra. Is ann mu’n àm so a chaidh ministear a choimhead air seann chailleach do Chlann–Leathainn a bh’air leabaidh a bàis. “Am beil eagal Dé oirbh a bhean?” thuirt a’ ministear. “Co am fear a tha sin?” ars’ a’ chailleach. “O tha,” ars a’ ministear, “am fear a tha ’riaghladh na h–uile ni.” “Ciod e is sloinneadh dha?” ars a’ Chailleach. Chunnaic a’ ministear nach b’ urrainn da teagasg sam bith a thoirt di, is fhreagair e. “Is Caimbeulach e.” Fhreagair a’ Chailleach–“Gu dearbh bha mi a’ smuaineachadh sin; cha do theòthaich mo chridhe riabh ris!”

“Amhlaireachd Cloinn–Mhic–Philip.”

“Camshronaich bhoga ’n ime.”

“Iarr gach ni air Camshronach ach na iarr ìm air.”

“Casan tioram Chlann–an–Tòisich.”

“Cha’n ann a h–uile là bhios mòd aig Mac–an–Tòisich.”

“Fadal Chlann–an–Tòisich.”

“Clann–Mhic–Codrum nan ròn.”

“Cha’n ’eil Clann–Mhic–Neacail dioghalta.”

“Clann–Mhic–Neacail a’ bhrochain ’s an droch aran eòrna.”

“Cha bhi gean air MacCoinnich gus am faigh e ’dhiot.”

“Clann Mhuirich a’ bhrochain.”

“Cha bhi gean air Granntach gus am faigh e lite.”

“Clann Mhic Leòid na mine”

Their iad an t–ainm so ris na Leòdaich bho an àm a chaidh Marcus Mhontròis a ghlacadh an Asainnt. Tha iad a’ cantuinn gu’n d’ fhuair Mac–Leòid Asainnt min ghoirt a chaidh a cheannach an Lìt’mar dhuais, agus air an aobhar sin thubhairt Iain Lom:–

'Marbhaisg ort a dhi-mheis,
Nach olc a reic thu 'm firean,
Air son na mine Lìtich
Is dà-thrian di goirt."

"Cha robh balach riamh do Chloinn Ghriogair, no caile do Chloinn-an-Aba."

"Co ris a theid mi dha 'm ghearan 's gun Mhac-ic-Ailein a' Mùideart."

"Sliochd nan sionnach, Clann Mhartuinn."

"Tha uaisle fo thuinn an Clann Lachlainn."

"Clann-Fhionghainn nam fochag."

Mar thuirt mi mar tha, bha latha dhe'n robh an saoghal is gu'n cuireadh cuid de na facail ud fearg mhor air daoine, ach dh'fhalbh iad sin, agus coinnichidh Gàidheil as gach àite nise, is suidhidh iad mu'n aon bhòrd mar bhraithrean. Bidhidh sinn an dòchas nach fhada gus an tig an latha 'nuair-

"Bhios caoimhneas, comunn, iochd is gràdh,
Anns gach àit a measg an t-sluaigh,
Eadar far an éirich grian,
'S far an laidh i 'n iar 's a' chuan."

Ged tha na Gaidheil gu tric glé ullamh air son ceartais a thoirt a mach, 's a bhios iad fo mhulad is fo ghruaim 'nuair a gheibh iad droch-cheartas tha iad a' smuaineachadh gu'm beil a dhol air bialaobh cùirte 'na ghnòthuch cudthromach. Turus dha'n robh mi an Uibhist-a-chinne-Deas dh'fhoighnich mi ri seana bhean chòir an robh i riabh air Tir-mòr. "O cha robh, a ghràidh-Buidheachas do Dhia, cha robh mi riabh a null air an Fhaoghail-a-Tuath." Bha'm boirionnach còir a' ciallachadh le so nach robh i riabh aig cùirt an Loch-nam-Madadh. Is ann air son sin a bha i 'toirt buidheachas do Dhia.

Tha cuid a bheir am mionnan mar gu'm b' ann a' gabhail duan air Oidhche Chaluinn a bhiodh iad, ach cha'n e sin doigh nan seana Ghaidheal idir. Is e ghnòthuch cùramach do dhuine sam bith a mhionnan a thoirt agus cha'n ann aon uair a chunnaic mi seann duine anns na h-Earrannan Caitliceach de 'n Ghàidhealtachd a' deanamh comharradh na croise 'nuair bha e 'dol air a mhionnan.

(Ri leantuinn.)

TRATHAN NA BLIADHNA.

"Rinn thu an samhradh agus an geamhradh."—Salm lxxiv: 17.

Co fada 's is urrainn do sholus naduir cuideachd a ghleidheadh ri solus maiseach a Bhiobuill, cha 'n 'eil dealachadh eadar iad. Mar

so, chi sinn gu bheil an geamhradh a tha ag eideadh na talmhainn le trusgan sneachdach, reothach, a' giulan samhlaidh laidir air laithean liatha a tha 'g innseadh gu bheil an duine deas airson na h-uaigne amhuil mar tha 'n t-ARBHAR CRAOBHACH a' fas deas airson corran a bhunaiche. Ach ged is e dubhachas an sgail a chithear air tus anns a gheamhradh; ged a shaoileas sinn nach 'eil brigh no sunnd, no comhfhurtachd idir ann an luib a gheamhraidh, is eiginn gu bheil an raidhe so 'coimhlionadh aobhar sonraichte, oir nach eil fios againn gur e Dia 'rinn an geamhradh.

Ged tha 'n talamh a reir coslais a' gabhail fois anns a gheamhradh, ged tha cinneas marbh, 'us lusan na macharach 'us craobhan nam frith air seargadh 's air crionadh, ged nach eil feur anns na lointean no ionaltradh anns na comhnardan, tha 'n grund a' trusadh buannachd 'us beairteis bho shuain 's bho thamh a gheamhraidh. Na 'm bitheadh an talamh gun fhois idir, ann an uine ghearr cha ghiulaineadh e toradh, cha bhitheadh brigh, no dreach, no buannachd ann. Tha raidhe fhuar 'us thosdach a gheamhraidh a' deanadh seirbhis fheumail agus luachmhoir ann an Fresdal an Tighearna. Leis an t-samhchair a tha sgaoilte air cnoc 's air srath, air muir 's air tir, air loch 'us learga, tha 'm fearann air uidheamachadh airson barr brioghmhor, trom a thoirt seachad a rithist. Eadhon an sneachd a tha 'g amharc co fuar 's co mi-chaoimheil agus co neo-tharbhach, tha esan a' gleidheadh uchd nan achaidhean blath, agus a' toirt tearuinteachd bho gach stoirm 'us gaillion, bho gach fuachd 'us reothadh do 'n bharr a dh' fheumas dubhlachd na h-aimsir fhulang, mar tha 'n crinneachd geamhraidh anns an dùthaich so fein. Le tosdachd tiamhaidh a gheamhraidh tha moran maith air a dheanadh, agus tha beartas an t-saoghail gu leir air a mheudachadh gu mor. An trath a smuainticheas neach aig a' bheil 'n a dhachaidh fein tearmun, 'us seasgaireachd, 'us comhfhurtachd, 'us dion bho fhuachd a gheamhraidh, air a liuthad creutair diblidh, suarach, bochd aig nach 'eil fardach, no doigh, no aite air bith anns am faod iad fasgadh fhaotainn, fasaidd a chridhe tairis agus seirceil, agus bithidh miann dileas aige air comhnadh a' dheanadh leis an duine bhochd aig nach 'eil maoin no caraid fiughantach am feadh tha dubhlachd a gheamhraidh a' toirt d'a ionnsuidh call agus uireasbhuidh eagalach. Cuiridh trioblaid 'us an-shocair snuadh dorcha 'us smuairnean bochd air gach aighear, 'us sunnd, 'us slainte 'mheallar roimhe. Tiormaichidh reothadh cruaidh 'us searbh na h-iargainn na sruthan seimh, baigheil a b' àbhaist agh 'us subhachas a thoirt d' ar cridheachan. Thig teachdaireachd uamhasach a ghairmeas air falbh gun iochd, gun truacantachd, ceann-teaghlaich, no neach a bha ro mheasail, neach d' am bu nos le 'chairdeas fìor, caidreamhach, cridheachan a luchd-daimh a dheanadh ait 'us aoibhneachan, neach a choisinn le 'chomhludair stuama, beusach, mor-mheas 'us speis doibh.

RENA.

TURUS A GHILLE GHLAIS DO 'N CHEANNA-BHAILE.

FHIR-DEASACHAIDH,-O! ach cho mór 'sa tha 'n saoghal. Bha mi air an t-seachdain so chaidh an ceanna-bhaile na siorramachd, agus b'e sin

am baile. Bha mi 'n dùil riamh an uair a ruiginn an ceanna-bhaile gu'm bithinn aig ceann an t-saoghail, ach bha pios mor eil' ann. Gun teagamh, air aon laimh cha robh dòigh na seòl air a dhol na b' fhaide, ach air an uisge; theirig an talamh. Coma co dhiu, bha mi 'sa cheanna-bhaile, agus chunnaic mi luchd-comhairle na siorramachd ag obair. Ag obair, an d' thuirt mi? Cha robh iad ag obair, ach bha iad nan tàmh-a bruidhinn 'sa coiseachd. Cha 'n fhaca mise daoine riamh a tha cuir seachad an ùine cho beag feum riutha. Bha Raonull ag ràdhtainn gur h-ann a bha e ga n coltachadh ri, "Droch <eng>annual meeting<gai>

[TD 367]

[Vol. 6. No. 46. p. 7]

sgoile." Cha 'n eil ioghnadh idir ged a bhiodh toil aca faighinn ann. Bidh fear dhiu, an uair ainneamh a bhios iad na 'n suidhe, air àit' àrd, moran na 's àirde na càch; agus an uair a bhios aon do chàch a dol a bhruidhinn, ni e modh dha 'n fhear a tha gu h-àrd, agus "Mr. Ardan," their esan. Ni 'fear a tha gu h-ard a shùilean cho miogach 'sa 's urrainn dha; bheir e cabadh na dha air a bheul, ach cha chan e smid, agus tha cead a sin aig an fhear a tha gu h-iosal air na thogras e ràdh. Air uairibh saoilidh sibh gu bheil iad a dol a shabaid, ach ann an tiotadh tha iad a bruidhinn 'sa gaireachdaich mar a bha iad riamh. 'Nuair a bha mi 'beachdachadh orra, thuirt mi nam inntinn fhein, "Tha corr' fhear agaibh nach till an so tuilleadh, agus 's suarach an call."

Air mo dhol air adhart, thaghail mi aig Niall, oir chuala mi gun robh damh aige ri reic. Dh' fhoighneachd mi dheth an robh an damh reamhar. "Reamhar," ars esan, "tha, tha," 's e sgapadh a dha laimh bho cheile. Lean sinn air bruidhinn gus an d' thainig sinn gu bruidhinn air deagh na <eng>lake.<gai> "An robh," arsa mise, "deigh mhath air an <eng>lake,<gai> am bliadhna." "Cha robh mis'" ars' esan, "air an deigh bho cheann da fhichead bliadhna." "Nach robh sibh air latha reis nan each," arsa mise. Fhreagair e gu crosda, "Cha 'n e sin an turus a tha mise ag ràdhtainn." Dh' fhoighneachd mi sin dheth cia miad a bh' aige do theaghlach. Thuirt e gun robh seachdnar. "Agus am bheil iad uile beò," arsa mise. Thuirt e, "Gun robh dithis dhiu beò, dithis anns na Stàitean, agus triùir pòsda." Ach thainig orm a bhith falbh. Thuirt Niall rium gun robh droch bhogalach eadar mi 'san rathad mor; "Ach," ars esan, "'nuair a bhios tu dìreach gus a bhi aig tigh Iain Ghròt, tionndaidh air do laimh dheas agus bidh tu <eng>all right."<gai>

Tha moran eil' agam a dh' fhaodainn innse a chunnaic mi air mo thurus, ach on a tha mo litir air fas tuilleadh is fada 's fheudar sgur. 'S mi ur caraid, an latha chi 's nach fhaic, agus da la eile,

AN GILLE GLAS.

AM BUACHAILLE-LAOGH AGUS AM MINISTEIR.

Bha balachan òg, mac baintrich bhochd, aon uair 'na bhuachaille-laogh aig tuathanach àraidh. Bha e a' faighinn a bhìdh mar thuarasdal o'n tuathanach, agus bha a mhàthair 'g a cumail féin a suas mar a b' urrainn di le 'bhi ag obair do na coimhearsnaich, maille ri cuideachadh beag a bha air a bhuileachadh oirre o àm gu àm á airgid nam bochd. Thuit gu'n robh fearann an tuathanaich a' crìochnachadh ri <eng>glebe<gai> a' mhinistir agus co-dhiu a leig am buachaille na laoigh am measg coirce a' mhinisteir, no ciod air bith a b' aobhar, ghabh e fuath agus gamhlas mòr do'n bhalachan, agus cha'n iarradh e ach a bhi 'g a smàdadh a h-uile cothrom a gheibheadh e. Bha aig a' mhinisteir gille miodalach, tràilleil a b' àbhaist da a thoirt leis an uair a bhiodh e, le 'charbad beag, a' gabhail a chuir troimh 'n sgìreachd. Thachair dhoibh a bhi a' gabhail sgrìob air latha àraidh, agus faicidh iad buachaille nan laogh 'n a shuidhe taobh an rathaid mhòir le deise ùir aodaich air. Bu math a bha fios aig a' mhinisteir c'àite 'n d' fhuair am balachan an deise, agus smaointich e gu'n gabhadh e an cothrom air a nàrachadh. "Cò, mo ghille math," ars' esan, "a chuir ort an deise, ùr, gasda sin?" "Chuir," thuirt am balachan bochd 's e 'togail a chinn, "le'r cead, a mhinisteir, a' cheart feadhainn a chuir an deise sin oirbhse, - chuir an sgìreachd." An uair a mhothaich am ministeir a' chùis air a tilgeil cho deas 'na aodann leis a' bhalachan chuir e 'chuip ris an each, agus thàr e as. Ach air dha dol beagan air aghart smuainich e gu'm bu tàmailteach da leigeil leis an ruaig a bhi air a chur air mar so an làthair a gille féin; stad e an carbad, agus chuir e air ais an gille a dh'fhèdraich d' an bhalachan, an gabhadh e muinntireas ga bhi 'n a bhurraidh aig a' mhinisteir. Thill an gille le othail mhòir, agus chuir e a' cheist ris a' bhuachaille. "Am bheil thusa 'dol g' a fhàgail?" ars' am balachan. "Cha'n 'eil," fhreagair an gille. "Mata, mur 'eil," thuirt am balachan, "rach air d' ais agus abair ris mhinisteir, gu'm bheil mise 'meas gu'm bheil a thighinn-a-stigh beag gu leòir a chumail a suas dà bhurraidh, gun ghuth air a bhi ag iarraidh an treas fear!" Dh'fhalbh an gille 's a theanga 'n a phluic a dh'innseadh a shoirbheachuidh, agus is i mo bharrail nach do chuir e féin no am ministeir a bheag tuillidh de dhragh air a' bhuachaille-laogh.

I. B. O.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaisg air laimh. Ma tha thu air son Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig

Niall Mac Fhearghais,

an Taillear,

agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.

Cordaidh 'Obair Riut.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,

<eng>Stewartdale, C. B.

Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."

Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
MA tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA
aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 368]

[Vol. 6. No. 46. p. 8]

Domhnull Cruaidh agus an Ceard.

LE NIALL MAC LEOID

Bha gille còir 's a' bhail' ud shuas
Air am bheil sgeula bochd r' a luaidh,
'Nuair 'thachradh dha 'bhi thall air chuairt
Mu thigh an òil-
Mhilleadh e 'n sin gach sgillinn ruadh
Dhe 'chuid a' pòit.

Is iomadh oidhche, fliuch 'us sgìth,
A chluinnte suas e troimh na glinn,
'Us luinneag aig' air òran binn,
Mur biodh e làn;
Ach mar 'bu tric' b' e taobh an tuim
A leabaidh tàimh.

Chaidh 'innse 'Dhòmhnull mìltean uair
Nach biodh e 'chaidh 'n a dhuine buan,
'S gu 'n tigeadh crìoch air a bhiodh truagh-
'Us sin gun dàil;
Ach cha do thuig e fhéin no 'n sluagh
Gu 'm b' ann le ceàrd.

Air oidhche ghruamach, ghreannach fhuar,
Mu eadar dà-uair-dhiag 'us uair,
Bha smùdan math air Dòmhnall cruaidh,
Ach ged a bha,
Chaidh aig' air dìreadh ris a' bhruaich
Gun móran spàirn.

Ach 'n uair a nochd e ris a' ghleann,
'S a thog mo laochan suas a cheann,
Chunnaic e tein', aig Creag-nam-meann,
A bhruicheadh tarbh,
'S mu 'n cuairt dheth daoine 'ruith 'n an deann
Le caithream gharbh.

Shocraich e 'chasan air an t-sliabh,
'S dh' fhosgail e 'shùilean farsuinn fial,
'S ghuidh e air Rìgh nan dùl a dhion
A laimh a nàmh;
'S gur cinnteach, ma bha 'n sealladh fìor,
Gu 'n robh e 'n sàs.

"Ach, bàs no beath'," thuirt Dòmhnall cruaidh,
"Cha mhisde balach làn na cuaich',
'S fhearr dhomh mo shearrag a chur uam
Mu 'n tig a' ghràisg,
'S na th' air a grunn a sguabadh suas
Mu 'm faigh mi bàs."

Thug so do Dhòmhnall tuilleadh neart,

'S an uair a bheachdaich e gu ceart,
Chual' e pìob-mhór a' seinn le sgairt,
'S a duis gu h-àrd,
'S na dannsairean a' leum gu h-ait
Aig banais ceaird.

Mar nach 'eil ciall aig fear na misg,
'S ann a ghabh Dòmhnall sìos 'n am measg;
Leum e do 'n dannsa beò 'us brisg,
'S a' bualadh làmh;
'Us dh' eubh an ceàrd le glaodh a chlisg
Na bha 'n a dhàil!

Mhionnaich e 'Dhòmhnall, 's cha b' ann fann,
E 'thoirt a chasan leis gu teann,
Mu 'm biodh gach fiacaill 'bha 'n a cheann
Aige fodh 'shàil-
'S a 'cur a chòta dheth 'n a dheann
Gus a bhi 'n sàs.

Ach cha robh fios aig air gach buaidh
A thug a dhùirn do Dhòmhnall cruaidh,
'S a liuthad cath 's 'n do chuir e 'n ruaig
Air laoch a b' fheàrr
Na luidean bochd, gun fhuil gun uaill,
A dh' ablach ceaird.

Thug Dòmhnall ceum no dha gu taobh,
'S sheas e gu daingeann air an fhraoch,
Sheall e mu 'n cuairt dheth air an laoig
'Bu mhiosa greann;
'S thuig e gu 'm b' fhearr dha cumail saor
Na 'dhol 'n an ceann.

Ach dhruid na naimhdean air mu 'n cuairt,
'Us cha robh aig' ach bàs no buaidh-
"Obraich a nis, as Dhòmhnall chruaidh,"
Thuirt e ris fhéin,
"'S ged 'chailleadh tu do cheann 's do ghruag,
Gu bràth na géill."

Thòisich an slachdadh thall 's a bhos,
'Us sguir a' phiob 'us gàir nan dos;
Ach cha d' thug sin am blàr gu clos,
No coltas sìth-
Bha Dòmhnall cruaidh 's an ceard Iain Ros
Cho garg a' strìth.

Ach chaidh an ceard a chur ri làr,
'S bha 'n cuiridh, Dòmhnall cruaidh, gu h-àrd-
Chuir sin an cuthach glan air càch,
An rìgh 's an triath
'Bhi air a cheannsachadh le tràill
Nach fhac' iad riamh.

Chruinnich gach duine, bean, 'us clann;
Rug iad air chasan air 's air cheann—
Gach poit 'us cuach, gach spàin 'us bann,
'N an sad mu 'dhruim—
Dhùisgeadh mac-talla Chreag-nam-meann
Le fuaim a chuim.

Sgapadh an teine 'n ear 's an iar,
'S an ceàrd ag eubhach "sleagh no sgian"
A chuireadh air a nàmhaid crìoch
An ùine ghearr;
Ach rinn an dorchadas a dhion
Bho ghnìomh cho nàr.

Cha chluinntes nis ach "Och" 'us ràn,
'Us tarruing ghruag 'us bualadh làmh;
Ach fhuair mo Dhòmhnall cruaidh á sàs,
Gu fuilteach fann,
'S e 'toirt a mhallachd air a' cheàrd
A mhill a cheann.

Tha nis an gaisgeach, Dòmhnall cruaidh,
Gu tosdach balbh ag cnàmh 's an uaigh;
Eadar a' mhisg agus droch fhuachd
'Us cath a' cheàird,
Chaidh Dòmhnall còir a sgaradh uainn
Gu tir a 's fheàrr.

DO BHIADH

Do Neart—Ma bhios e air a dheagh chnàmh.

Mur eil do stamag a deanamh a h-obair, feuch K. D. C. Cha 'n eil duine air am bheil Cion-cnamhaidh a cur dragh nach cuidich e—do nach toir e slàinte agus comhfhurtachd. Tha <eng>K. D. C. Pills<gai> anabarrach math air son a chuim. Leighsidh iad Teanntachd, ma ghabhar iad maille ri K. D. C.

AIR AN SAR MHOLADH.

Sampuill de K. D. C. 's <eng>K. D. C. Pills<gai> a Nasguidh.
<eng>K. D. C. Company, Limited, New Glasgow, N. S. & 127 State St.,
Boston, Mass.

Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG—Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

Tha sinn a cumail an aite so do

<eng>MACDONALD, HANRAHAN
& CO.,<gai>

'Nuair a gheibh iad am bathar ur a stigh, bidh tuilleadh aca ri radh ri 'n cairdean.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

[TD 369]

[Vol. 6. No. 47. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH, CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 20 MAIGH, 1898. No. 47.

GNOTHUICHEAN NA H-AIRDE 'N EAR.

Is e daoine geur-inntinneach, gleusda, foghainteach, a bha anns na seana Ghreugaich. Cha robh ann an laithean an gaisge, 'g an treubhantais, agus an eolais ann am bardachd, ann am feallsanachd, agus anns gach foghlum eile, daoine air bith eile 'bha co sonruichte, co suilbhir 'us co seolta ris na seana Greugaich. Ann am baile na h-Aithne, ann an Argos, ann an Thebes, ann an Sparta, ann an Corintus agus ann an roinnean eile de 'n Ghreig, bha sluagh a' tuineachadh a bha, da rireadh, ealanta, comasach, dealasach, fiachail, anns an aimsir a tha 'nis fada air falbh. Thainig na Persianaich le feachd gun aireamh do 'n Ghreig, le durachd aingidh saorsa nan Greugach a chur bun os cionn, agus iad fein a thabhairt gu staid dhiblidh, bhochd, mar thraillean do righ uaibhreach Phersia. Chaidh na Greugaich g' an dulan, agus thug iad buaidh air iomadh faiche, air feachd uamhasach nam Persianach. Air blar Mharathoin, aig Salamais, agus ann an ionadan iomraiteach eile, ghleachd na Greugaich gu ro-mhaith agus gu buadh-mhor an aghaidh righ 'us ceannardan Phersia. Dhearbh iad gu foghainteach gu bheil an sean fhocal fìor: "Is dàn an coileach air a dhunan fein," agus choisinn iad cliu airson gaisge 's treoir, nach basaich am feasd. Mo thruaighe! cha b' urrainn iad cordadh no 'bhi aig sith 'n am measg fein, agus fa-dheoidh fhuair Philip, righ Mhacedonia, le foill 'us airgiod, ughdarras thairis air na Greugaich aluinn, eireachdail, ann an cruth 's an gnìomh, re iomadh ginealach, agus ann an iomadh deuchainn. Fhuair na Romanaich a rithist lamh an uachdair air na Greugaich, agus chaidh grian an saorsa 's an ailleachd fodha le mulad duaichni. Chaidh linn an deigh linn seachad, gus an d' eirich cumhachd bhruideil nan Turcach, a sgaoil le faobhar a' chlàidheimh an ainm 's an riaghladh mosach thairis air tìr mor 'us eileanan nan Greugach. Ann an 1827, aig Nabharind, thug cabhlach Bhreatuinn agus Ruisia 's na Frainge, buaidh mhor air cabhlach nan Turcach 'us nan Eiphiteach. Thoisich mar so, agus leis a' bhuidheachd so, saorsa nan Greugach aon uair eile. Mar tha 'n eachdraidh a nis ag innseadh gu soilleir, chaochail spiorad, 'us gliocas, 'us treubhantas, 'us aghartas nan seana Ghreugach ghlormhor, agus cha 'n fhaicear a nis am measg an t-sluagh a tha 'creidsinn gu bheil fuil nan sean-laoch a bhuidheachd aig Marathon 'us Platea, 'ruith 'n an cuislean-maise, 's duinealas, 'us cruadal, 'us ailleachd nan Greugach a rinn a' Ghreig ainmeil 'us taitneach air feadh gach linn 'us ial. Tha e fìor gu buineadh baile mor nan Turcach, agus mìle comhnardan farsuing, torach air an d' fhuair na Turcaich coir le faobhar geur nan lann, do na Greugaich re moran bhliadhnachan, agus gur e rìghrean Greugach a bha 'chomhnuidh ann an luchairtean Constantinople. Nam bitheadh surd, 'us eud, 'us tapadh 'us treibhdhìreas cheart aig Greugaich na linn so, dh' fhaodaidh luchd-comhairle na Roinn-Eòrpa 'bhi 'g altrum an dochais gu faigheadh iad an oighreachd fein no oighreachd an sinnsirean air a h-ais, an uair a dh' fhagas an Sultan agus a Phashas beannachd gu brath leis gach baile 's achadh a tha fathast aca anns an Roinn-Eòrpa. Ach cha 'n eil ach daoine suarach, bochd, daoine meat, gealtach, gun mhisneachd, gun fheum, ' gun tabhachd, ann an Greugaich an latha 'n diugh. Dh' eirich bho cheann uine nach eil fad' air falbh, comunn uaigneach, ardanach, a bha 'glaodhach a mach gu tainig an t-àm anns an robh e mar fhiachaibh air na Greugach an guth 's an lamhan a thogail gu laidir, foirmeil, agus an oighreachd fein 'fhaotainn air ais gu samhach, no le fearg 'us stri nan lann,

bho na Turcaich bhruideil, mhosach. Cosmhuil ri Cuba, tha aramach ach beag daonnan ann an Crete, eilean a bhuineas do na Turcaich. Chuir na Greugaich, ged nach nach eil coir air bith aca air eilean Chrete, feachd shaighdearan gun chead, gun iarraidh do 'n eilean so. Chaidh am beagan gus a' mhoran, gus mu dheireadh an do bhrìst cogadh a mach eadar na Greugaich agus na Turcaich. Cha robh aig na Greugaich amaideach comas no deasachadh iomchuidh air bith airson cogadh a dheanamh an aghaidh nan Turcach. Cha ghabhadh na Greugaich comhairle no stiuradh air bith bho Bhreatunn no bho rioghachd cairdeil eile. Bha iad a' saòilsinn am feadh a bha iad fein le guth fuaimneach, bagrach, ag iarraidh cogaidh an aghaidh nan Turcach, gu rachadh rioghachdan na Roinn-Eòrpa as an leth, agus nach leigeadh iad do na Turcaich an claidheamh a thoirt as a thruaill. Fhuair na Greugach cead an toil amaideach fein a ghabhail agus a leantuinn. Thachair feachd nan Turcach 'us nan Greugach ann an stri nan sleigh 's nan lann, 'us le gunnathan mora. Thug na Turcaich buaidh an deigh buaidh air na Greugaich ghealtach. Nam bitheadh cuibhrionn beag de spiorad nan Greugach aosmhor aca, dh' fhaodaidh iad an grunn fein a sheasamh, agus buaidh fhaotainn ann am blar no dha air na Turcaich. Na cladhairnean truagha! na Greugaich, eadar cheannardan 'us shaighdearan, theich iad gu narach bho dhaighneach gu daighneach. Bhuaill na peilearan iad anns a' chul-thaobh, gu mu dheireadh an robh na Turcaich gle dhluth air baile na h-Aithne. B' eiginn do na Greugaich suim mhor airgid a phaigheadh ris na Turcaich airson gach cost a bha aca anns a' chogadh a thug na Greugaich bhosdail, bhochda orra. Cha d' fhag na Turcaich crìochan na Greig fathast. Tha iad a nis co proiseil ri coileach Frangach, on thug iad buaidh air na Greugach agus a nochd iad mar so do 'n t-saoghal gu leir nach do chaill an gairdean a spionnadh; agus gu dean iad gleachd eagalach agus spairn ghaisgeil, mun fag an <eng>Sultan<gai> agus iad fein luchairtean 'us dachaidhean boidheach, 'us eileanan 'us uisgeachan ciatach Chonstantinople.

CONA.

SOIRBH GU LEOR.

Bha fear-lagha ann uair, aig an robh càs iongantach ri shocrachadh. Is e so e. Thainig lighiche da ionnsuidh 'se fo iomaguin mhoir. Bha leanabh an te aig dithis pheathraichean, a bha a' gabhail còmhnuidh anns an aon tigh, agus an da leanabh cho coltach ri chéile 's nach aithnicheadh am mathraichean iad o chéile. Ach le dearmad nam banaltrum, an uair a bha iad a' cluich còmhladh latha air chor-eiginn chaidh iad "am measg a cheile," agus mar sin cha robh fios aig na màthraichean an robh an leanaban féin aca, an uair a fhuair iad air an ais iad.

"Ma dh' fhaoidhte," ars am fear lagha "nach deach iomlaid a' dheanamh air na leanaban idir."

"O chaidh, cha'n eil teagamh nach d'rinneadh an iomlaid," ars an lighiche.

“Am bheil sibh cinnteach?” ars am fear-lagha.

“Cho cinnteach agus is urrainn domh bhith,” ars an lighiche.

“Mata,” ars am fear-lagha “ma ’s ann mar sin a tha, c’arson nach rachadh an iomlaid air ais. Cha’n eil mi-fhéin a’ faicinn doirbheadas sam bith anns a’ chùis’.”

Cuir a dh’ iarraidh MHIC-TALLA.

[TD 370]

[Vol. 6. No. 47. p. 2]

BAS MHIC UISNICH.

(Air a leantuinn.)

An deigh na laoidhe sin thubhairt Leabharcham ri mic Fhearghuis uinneagan agus dorsan an tighe a’ dhùnadh; “agus nan tig iad chugaibh,” arsa ise, “thoir am mach buaidh, agus dean gu calma, agus teasraigibh sibh féin gu math.” Dhoirt i an sin na frasan deur teth, brònach, agus dh’fhàg i beannachd aca agus thainig i far an robh Conchubar. Dh’fhoighneachd Conchubar sgeul dhi. “Tha droch sgeòil agus sgeòil mhaithe agam,” arsa ise. “Ciod iad sin?” arsa Conchubar. “Is maith an sgeul,” arsa ise, “an triùir is fearr dealbh agus deanamh an Eirinn teachd chugainn, eadhon clan Uisnich teachd gu Coigeamh Ulaidh, agus is iad so na sgeòil is fearr againn. Agus is iad na sgeòil is miosa againn, eadhon, a’ bhean a b’fhearr dealbh agus deanamh anns an domhain an am imeachd uainn a-Eamhuinn, gun a cruth no a dealbh fein a’ bhith oirre a nis.”

Cho luath agus a chuala Conchubar sin chaidh moran de ’eud air chùlthaobh, agus thòisich e air caoidh an deigh sgeimh Dheirdre, gus an d’ thubhairt e a rithisd. “Cia agaibh a theid a dh’ fheuchainn am maireann a dealbh no a deanamh féin air Deirdre?” Agus dh’fhoighneachd e fo thri uairean, ach cha do fhreagair aon neach e. An sin thubhairt Conchubar ri Treun-dorn; “A Threandoirn, co mharbh d’ athalr, agus do thriùir dearbhràthair?” “Tha fhios agam,” ars’ esan, “gu’m bu Naoise mac Uisnich a mharbh iad.” “Maiseadh,” arsa Conchubar, “Eirich a dh’fhiosrachadh, am maireann a dealbh féin air Deirdre.” Ghluais Treundorn roimhe a dh’ ionnsaidh na bruighne, agus fhuair e uinneagan agus dorsan an dùin dùnta. Ghabh cagal agus faiteachas e, agus thubhairt e, “Cha chòir dhomh teannachadh air clann Uisnich, oir tha fearg mhor orra.” An sin fhuair e air a’ bhruigh, uinneag nach deach a crannadh, agus theann e ri Naoise ’fheuchainn tre an uinneig; agus mhothaich Deirdre da sin, agus chuir i an céill do Naoise e. Dh’fheuch Naoise am mach, agus chunnaic e sùil an fhir sin. Agus thachair gu’n robh fear-chaille na tàilisce ’na làimh; agus thug e urchar cuimseach uaidh leis an do chuir e an sùil an òlaich e. Agus dh’ fhalbh e agus e air leth-shùil far an robh Conchubar. “Bheir mi mo bhriathran,” arsa esan, a’

Chonhubair, “gu’m biodh Naoise ’na rìgh air an domhain, ma leigear da e, agus gur i Deirdre a’ bhean a’s fearr dealbh agus deanamh de mhnathaibh na cruinne.”

Is ann an sin a thubhairt Conchubar, “Eirichibh, ’Ultacha, agus imichibh timchioll na bruighne, agus cuiribh ’na dearg-lasraichean i.”

An sin dh’éirich cach an aon-fheachd, agus leig iad trì gaoirean-catha asda, agus chuir iad ri teine i. Air cluinntinn sin do chlànn Fhearghuis, dh’fhoighneachd iad co bha ann. “Tha, Conchubar agus na h-Ultach” arsa iad, “Is truagh sin,” arsa Iollann Fionn, “ma ’s iad urrasan Fhearghuis is aill leibh a’ bhriseadh.” “Dar mo bhriathar,” ars a Conchubar, “is mo an eucoir do chlànn Uisnich mo bhean-sa a’ bhith aca ’na sin.” “Och! mo thruaighe! a’ chlànn Uisnich rinneadh fheall oirbh.” “Dar mo bhriathair,” arsa Buinne Bord Ruadh, mac Fhearghuis, “ma chaidh ur brathadh, cha bhrath sinne sibh;” agus air sin, air da a chuid airm a’ ghlacadh, thainig e am mach agus mharbh e trì cheud de na h-Ultaich do’n ruathar sin, agus bhaith e na teinntean agus mheasg e na slòigh.

An sin thubhairt Conchubar “Co chuir an ruaig so air na sluaghaibh?” “Mise,” arsa Buinne Borb Ruadh Mac Fhearghuis. Cumhachan mora uamsa dhuit, a’ Bhuinne, agus treig clann Uisnich,” arsa Conchubar. “Ciod iad na cumhachan sin?” arsa Buinne. “Bheir mi trì triocha-cead de fhearainn duit, mo mhuinighinn agus mo chomhairle.” Gabhaidh mi ris na cumhachan sin,” thubhairt Buinne, agus ghabh e riutha. Agus rinneadh sliabh tre mhior-builean De de an triocha-cead an oidhche sin fein, agus is ann ris a their iad an diugh Dail-Buinne an Uladh.

An uair a chuala Deirdre sin, “Mheall Buinne sinn,” thubhairt ise, “agus is aithreamhail (coltach ri ’athair) am mac e.” “Dar mo bhriathar,” arsa Iollann Fionn, “cha tréig mi fhéin sibh fad agus a mhaireas an claidheamh so agam.” Agus thainig Iollann am mach an sin, agus thug e trì cheud luath-Chuairtean cùramach timchioll na bruighne, agus mharbh e trì cheud de na h-Ultachaibh, agus thainig e air ais far an robh Naoise agus e ag imirt le Ainne, agus dh’òl e deoch, agus thainig e am mach a rithisd agus leus laiste aige agus thòisich e air na daoine a’ chasgairt gus nach rachadh gin diubh an coir na bruighne leis an eagal. Agus bu mhaith am mac sin Iollann Fionn, oir cha do ghabh e ailleagain no maoin o aoinneach riamhach o Fhearghuis, agus cha do dhiùlt e aoinneach riamh do thaobh sheòd no maoin.

Is ann an sin thubhairt Conchubar “C’àite am bheil Fiach Fionn mo mhac féin, oir is ann anns an aon oidhche, rugadh e fein agus Iollann Fionn; agus is e arm ’athar tha aig Iollann Fionn; agus mar sin thoir thusa m’ arm-sa leat, eadhon an Orchaoin, agus a’ Chorrthach, agus am Bogha Bearnach.

Is ann an sin a rinn an dithis so ionnsaidh air a’ cheile gu dàna, deagh-ghaisgeil. Agus bhuadhaich Iollann Fionn mac Fhearghuis, air Fiacha mac Chonchubair an tra sin, ionns gu’n d’thug e air crùban air chùlthaobh a sgéithe; agus bheucaich an Orchaoin le guth

fhoclaich ghràinneamhuil le meud an eiginn anns an robh Fiacha MacConchubair. Agus bheucaich tri prìomh-thuinn na h-Eire, eadhon, Tonn Tuaithe, Tonn Cliodhna, agus Tonn Rudhraighe a' freagairt di.

Bha Conall Cearnach, mac Aimhergin, an Dun Sobhairce; agus chuala e na tuinn ag beucach agus thubhairt e; "Tha Conchubar an eiginn agus cha dligheach dhomhsa eisdeachd ris." Agus ghabh e a chuid airm gu cliseach, luthmhor, agus thainig e roimhe gu Eamhuinn Mhacha; agus cha leigeadh an t-eagal leis na h-Ultaich a thoirmisg. Agus thainig e gu fealltach, an coinneamh a chùil gu Iollann Fionn, agus shàth e a cholg-ghlas eadhon a chladheamh troimh a chridhe. "Ge b'e ghuin mi a leth mo chùil," arsa Iollann Fionn "bheirinn còmhrag à leth m' aghaidh da." "Co thu fhéin?" arsa Conall. "Is mise Iollann Fionn mac Fhearghuis," fhreagair esan, "agus is e so Conall Cearnach a ghoin mi." "Is truagh gur mi," fhreagair Conaill. "Is mor an truagh an gnìomh a rinn thu, a' Chonaill," arsa Iollann "agus clann Uisnich fo mo dhidean." "Och! Mo thruaighe" arsa Conall, "dar mo bhriathran cha toir Conchubair a mhac féin uam gun a mharbhadh an dioghaill a' "ghnìomh sin," agus an sin thug Conall beum claidheimh do Fhiacha Fionn agus gu'n do sgaradh a cheann de a choluinn; agus dh'fhàg Conall iad. An sin thainig comharran bàis air Iollan Mac Fhearghuis; chuir e a chuid airm a steach anns a' bhruigh agus thubhairt e ri Naoise calmachd a' dheanamh, agus gu'n do mharbhadh e fhéin an aimhriochd le Conall Cearnach.

Thainig a nis na h-Ultaich timchioll air a' bhruigh a' cur teine rithe. Chaidh Ardan am mach agus mharbh e tri cheud gaisgeach. Agus air da 'bhith ùine fhada am muigh, thainig e asteach, agus chaidh Ainnele am mach an trian eile de'n oidhche a' choimhead na bruighne; agus mharbh e uimhir do-àireamh de na h-Ultachaibh, agus an deach iad gun mhisneach o'n bhruigh. Is ann an sin thòisich Conchubar air an iarmailt agus thainig Naoise am mach fa dheòigh, agus cha teid na thuit leis 'àireamh. Thug na h-Ultach cath an-fhann do Naoise; agus chuir Naoise an ruaig orra tri uairean. An deigh sin dh'éirich Deirdre 'na choinneamh agus is e thubhairt i ris: "Is buadh-mhor a' chòmhrag rinn thu féin agus do dithis dhearb-bhrathair; deanaibh gu foghainteach o so am mach. Bu olc a' chomhairle dhuibh taobh a thabhairt ri Conchubar agus ris na h-Ultachaibh agus is truagh nach do rinn sibh mo chomhairle-sa."

Rinn clann Uisnich a nis daingeann leis na sgiathan aca 'athadh ri 'chéile, agus chuir iad Deirdre eatorra, agus thug iad uile gu leir ionnsaidh an aon-fheachd air an naimhdean, agus mharbh iad tri chiad dhiubh do'n ruathar sin.

Chaidh Conchubar far an robh Cathfach an draoidh, agus thubhairt e "A' Chathfaich ceansaich clann Uisnich, agus imir draoidheachd orra, oir millidh iad an Coigeamh so gu bràth ma theid iad as a dh'aindeoin uatha an tràth so; agus bheir mi mo bhriathran dhuit-sa nach eagal daibh mi fein." Chreid Cathfach na facail so, agus chaidh e a dh'-ionnsaidh clann Uisnich agus rinn e draoidheachd orra, oir chuir e muir mhor-thonnach

[TD 371]

[Vol. 6. No. 47. p. 3]

air feadh na machair roimh clann Uisnich, agus na h-Ultaich air talamh tioram 'nan deigh. Agus bu ro thruagh mar a bha clann Uisnich 'gan claoidh anns a' mhuir mhoir, agus Naoise ag cumail Dheirdre air a ghualnean 'ga tearmuinn air a bathadh. An sin dh'òrduich Conchubar clann Uisnich a' bhith air am mharbhadh, agus dhiùlt fir Ulaidh uile sin a' dheanamh; oir cha robh aon duine annta gun tuarasdal aige o Naoise.

Bha òglach d'am b' ainm Maine Lamh-dhearg mac Rìgh Lochlainn le Conchubar; b'e Naoise mharbh 'athair agus a dhithis dearbhrathair, agus thubhairt esan gu'n deanadh e féin an dith-cheannadh an dioghail a' ghnìomh sin. "Maiseadh," arsa Ardan, "marbh mi fein air tus, oir is mi is oige de mo bhraithrean." "Cha'n e sin a nithear," arsa Ainnle. "ach marbhtar mi fein air tùs." "Cha'n ann mar sin is còir," arsa Naoise, "ach tha claidheamh agam-sa thug Manannan Mac Lir dhomh, nach fàg fuigheall beuma, agus bhualtear oirnn 'nar triùir an aon-fheachd e, agus nach faiceadh aon againn a dhearbh-brathair 'ga dhith-cheannadh." Agus a'cheart uair shin na h-uaislean sin am muinealan air aon cheap, agus thug Maine colg-bheum claidheimh dhaibh gu'n do sgar e na trì chinn a dh'aon bheum air a' bhad, agus leig na h-Ultaich asda trì trom-sgairtean bróin air an son 'gan caoidh.

A' thaobh Dheirdre, am fad agus a bha air chàich air a' chéile dhiubh, chaidh i roimpe faiche uaine Eamhna, agus i air breitheal agus air a cuthach le mulad agus doilghios agus i a' faontradh sear agus siar o dhuine gu 'chéile, gus an do chòmhlaich i Cuchuillein 'na ceart-aghaidh, agus chaidh i air a chomhairc, agus dh'innis i sgeul clan Uisnich da o thoisich gu deireadh mar a chaidh am brathadh. "Is truagh leam-sa sin," arsa Conchubar, "agus am bheil a fhios agad co mharbh iad?" "Maine Lamhdhearg, mac Rìgh Lochlainn," arsa ise. Thainig Cuchuillein agus Deirdre far an robh clann Uisnich; sgaoil Deirdre a falt, agus thionnsgain i air fuil Naoise 'ol; dath 'na h-eibheill air a gruaidhean, dubh-bhròn fiadhaich feargach 'na cridhe agus an cridhe fein ach beag air a stròiceadh. An sin thog i le dòruinn an laoidh:-

Is mor na h-achdan so an Eamhuinn,
Far an d' rinneadh feall gu h-olc;
Oidheadh cloinne Uisnich ionraic
Cul-taic gobhlach onoir Eirinn.

Bhiodh an domhain siar 'us sear
Agad fhéin, a' Naoise neartmhoir,
Gun a bheag de theagamh bhiodh,
Mur an d' rinneadh an droch-ghnìomh.

Adhlaichtear 'san uaigh mi,
Comhdaichtear le leacan mi,
Le feitheamh orra thig an t-eug

'Us crìoch an droch-ghnìomh orm féin.

An deigh na laoidhe sin, thubhairt Deirdre, "Leig leam mo chéile a' phòsadh;" agus thòisich i a' pògadh Naoise agus ag òl 'fhala gus an do thog i an laoidh a leanas:-

Is fad an la 'us gun chlann Uisnich ann,
Cha robh dragh orm 's mi 'nan cuideachd-san;
Tri mic rìgh fialaidh do na bochd,
Tri leomhain o chnoc na h-uamha.

Tri dreaguin o Dhùn Monaidh,
Tri curaidh o'n Chraoibh Ruaidh,
Cha 'n fhada dhomh 'us mi 'nan deigh,
An triùir bhris gach ruaig-cath.

Tri leannain bhàn Bhreatuinn,
Tri seabhagan Shleibh Chuileann,
Mic rìgh d' an geill gaisge,
Do 'n do lùbadh na glùintean.

Cha bu deas leo strìochdadh,
Is truagh bochd an tuiteam,
Tri mic inghne Chathfaich,
Tri gobhlain catha Chuailgne.

Tri beathaichean fiadhaich,
Tri leomhain o lios Una,
Triuir le 'm miann am moladh,
Tri mic uchda Ultach.

Triuir chaidh 'àrach le Aoife,
Bha crìochan fo chis da,
Tri cuilbh bhriseadh cruaidh-chòmhrag,
Tri daltan thogadh ann an Sgathach.

Chaidh an oilean aig Boghmhuin,
Air gach cleas 'us fòghluim,
Tri mic òirdhearca Uisnich,
'S mi tha tuirseach 'nan easbhuidh.

Na saoiladh duine 'na bheatha
Gu 'm mairinn an deigh Naoise,
Is beag saoghal a gheibh mi
An deigh Ardain 'us Ainnle.

Ard-rìgh Ulaidh mo cheud fhear,
Threig mi e air gaol Naoise;
Gearr mo bheatha dhomh 'nan deigh,
Sheininn-sa an tuireadh tuirseach.

Ann an deigh cha bhi mi beò,
Bhuadhaich iad anns gach deabhadh,
Triuir murrach air gach dochair 'fhulang,

Triuir laoich nach obadh gleachd.

Mallachd ort, a' Chathfaich draoidh,
Mharbh thu Naoise tre mhnaoi,
'S truagh nach d' rinn thu comhair air,
Sath an domhain e d' aon rìgh.

'Fhir a thochlas uaigh Naoise
Gus a chuir ann, uam-sa,
Na deantar leat an uaigh cumhang,
Bhithinn fein ri taobh nam flaithean.

Cha robh mise riamh 'nam aonar,
Ach an la a thochladh d' uaigh;
Ach is minic a bha mise
Agus sibhse féin gu h-uaigheach.

Chaidh mo fhradharc uamsa,
Air faicinn uaigh Naoise;
Gearr gu 'm fàg mi nis mo bheatha
Ach cha mhaireann luchd mo chaoineadh.

Air mo thailleabh mhealladh iad,
Na tri tonna neartmhor, bras;
'S bochd nach robh mise 'san uir,
Roimh marbhadh clann Uisnich.

Truagh mo thurus le Fearghus,
Do 'n Chraoibh Ruaidh bhreugadh sinn,
Le briathran blaithe, binne,
Mhealladh sinne an aon-fheachd.

Agus sheachuainn aoibhneas Ulaidh,
Dh' aindeoin churaidhean 'us chàirdean,
Cha bhi mi 'nan deigh 'nam aonar,
Cha dual domhsa saoghal fada.

An sin shuidh Deirdre anns an uaigh, agus thug i tri pògan do Naoise roimh dhaibh a leagail anns an ùir. Chaidh Cuchuilein roimhe gu Dun-Dealgain, gu cumhach, dubh-bhrònach, agus mhallaich Cathfach Draoidh am baile Eamhuinn Mhacha, mar dhioladh air a' mhor-olc sin, agus thubhairt e nach faigheadh Conchubar no neach eile de a shliochd, am baile sin gu brath an deigh na ceilge sin.

A' thaobh Fhearghuis mac Rosa Ruaidh, thainig e air la-iar-na-màireach gu Eamhuinn Mhacha, an deigh marbhadh clan Uisnich; agus an uair a fhuair e gu 'n do mharbhadh iad dìreach an aghaidh 'nan urrasan daingneann a thug e fein daibh, thug e féin agus Cormac Conloingios mac Chonchubair agus Dubhthach Daolshulach, ionnsaidh air buidheann eascairdich de mhuintir Chonchubair, gus an do thuit Maine mac rìgh Lochlainn leo, agus tri chead de a mhuintir mar aon leis. Loisgeadh agus chreachadh Eamhuinn Mhacha agus mharbhadh boireannaich teaghlach Chonchubair leo. Agus chruinneachadh sluagh Chonchubair as gach leith, agus b' e lion an t-sluagh tri mhìle

laoch; agus thriall iad as a sin gu Connacht gu Oiliol Mor, bha 'na rìgh air Connacht an trath sin agus gu Meadhbh Chruachna far an d'fhuair iad fàilte agus fasdadh.

A' thaobh Fhearghuis agus Chormaic Chonloingis agus an laochraidh, air ruigsinn ann an Connacht dhaibh, cha robh iad aon oidhche gun chreachadairean a' chuir uapa ag argnadh agus ag losgadh Ulaidh; agus mar sin daibh gus an do thraochadh crìochan Chuailgne leo, gnìomh as an d' thainig iomadh dochair agus fearg eadar an da Choigeamh; agus chaith iad seachad bliadhna no a' reir dream eile deich bliadhna air an dòigh sin gun osadh uaire eatorra. As leith a stigh de 'n aimsir sin, dh'fhàs Meadhbh torrach le Fearghus, gus an do rug i triuir mhac da a dh'aon-bhreith mar a tha Ciar, Corc agus Conmhac, mar a their am file anns an rann so:-

"Bu torrach Meadhbh an Cruachan chaoin.
O Fearghus nach do thoill mi-chliu;
Rug i triuir gun lochd nach lag,
Ciar, Corc, 'us Conmhac."

Is ann o'n Chiar so a'shloinneadh na Ciaruidhe am Mumhan, agus is ann de a shliochd a tha O' Chonchubar Ciaruidhe; is ann o Chorc O'Chorcamuadh; agus is ann o Chonmhac a tha gach Conmhaicne tha ann an Connacht; agus ge b'e leughas an duan d' am bu toiseach

"Clann Fhearghuis, clann os cach,"

gheibh e gu follaiseach gu'm bu mhor an uachdaranachd fhuair na triuir mac sin Meidhbhe an Connacht agus am Mumhain. Tha na tìrean a tha air an ainmicheadh uatha anns an da Choigeamh sin, 'nam fianuisean air a' chùis.

Bha fearghus agus an Dubhloingios, eadhon, na coimhich a chaidh leis gu Connacht a' sior-deanamh spuinnidh agus uile air na h-Ultaich airson bàis clann Uisnich; agus na h-Ultaich mar an ceudna a' deanamh ath-

(Air a leantuinn air taobh 374.)

[TD 372]

[Vol. 6. No. 47. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's

an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobhad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 20 MAIGH, 1898.

AN COGADH.

Cha d' rinneadh a bheag de chogadh o'n chaidh Manila a ghlacadh. Tha cabhlach de shoithichean cogaidh aig na Stàitean timchioll air Cuba, agus tha cabhlach aig an Spàinn anns an àite cheudna, ach cha d' thàinig iad gu blàr fhathast. Tha iad mar gu'm b' ann a' deanamh falach-fead air a' cheile bhitheadh iad. Thug na Stàitean ionnsuidh air arm a chur air tìr ann an Cuba deireadh na seachdain 'sa chaidh, ach thug arm na Spàinn ionnsuidh cho millteach orra 's nach d' fhuair iad gu tìr idir. Chaidh àireamh dhaoine a mharbhadh 'sa leònadh air gach taobh. Loisg na soithichean Geancach air baile San Juan aon latha air an t-seachdain s' a chaidh, agus bha 'san ainm gu 'n do mharbhadh naodh ceud Spàinnteach, ach cha'n eil sin idir coltach. Bidh moran seanchais a' tighinn gach latha nach gabh creidsinn. Cha'n eil fhios an teid moran fala a dhòrtadh a' cheud treis; tha an Spàinn lag, agus cha toir i ionnsuidh air na Stàitean gus an fheadar dhi, agus tha na Stàitean ged a tha iad gle bheairteach, fada o bhi làn uidheamaichte air son cogaidh. Cha'n eil teagamh mar sin, nach tarrainn iad ùine. Tha a cheana còrr us tri sheachdainean o'n thòisich e, agus cha d'rinneadh ach gle bheag fhathast. Tha moran dhaoine dhe'n bharrail nach mair an cogadh ach ùine ghoirid, agus tha moran eile dhe'n bharrail gur h-ann a mhaireas e ùine mhor, agus mu'n tig e gu crìch gu'm bi a chuid a's motha de rioghachdan na Roinn Eòrpa an sàs na chéile. Tha fhios nach eil ni a 'cumail na Frainge e dhol a chuideachadh na Spàinne ach an t-eagal a th' aice romh Bhreatunn, agus tha sinn an dochas gu'm bi an t-eagal sin oirre, oir cha'n eil iarraidh sam bith air an cogadh a dh'fhàs na 's motha na tha e. Cha robh na Stàitean us Breatunn cho mor aig cach a chéile riamh o'n dhealaich iad an toiseach 'sa tha iad aig an àm so. Air an dòigh sin, dh' fhaoidte nach caill an duthaich so air a' chogadh idir, oir cha robh na Stàitean a' nochdadh ri Canada ach gle bheag càirdeis anns na bliadhnaichean a chaidh seachad.

Tha obair na h-Ard Phàrlamaid a nise beul ri bhi crìochnaichte air son na bliadhna so, agus tha dùil ris an tigh a bhi 'sgaoileadh deireadh na seachdain s'a tighinn. Tha gach ni cudthromach a bha ri dheanamh aona chuid air a dheanamh no air a chur as an rathad, agus cha'n 'eil moran 'ga chur air adhart anns na lathaichean so ach bruidhinn, ni a tha àireamh nach beag air gach taobh dhe'n tigh gle chomasach air a dheanamh. Tha an t-Ard Riaghladair, Morair

Abaraidhean, a' leigeil na dreuchd uaithe, ged a fhuair e tairgse bliadhn' eile dhi, agus an uine gun a bhi fada bidh e 'dol air ais do'n t-seann dùthaich. Cha'n eil fhios fhathast cho bhios air a chur 'na àite.

Tha trioblaid mhor ann an cuid de dhùthchannan na Roinn Eòrpa aig an am so, gu h-àraid anns an Eadailt agus anns an Spainn. Tha an sluagh cumanta anns na dùthchannan sin anabarrach bochd, agus tha daoiread a' bhidh aig an àm so a' tigh 'n gle throm orra. Ann an àiteachan, tha an sluagh air éiridh ann an ceannairc, agus tha aig an luchd-riaghlaidh ris an arm a ghairm a mach air son an cumail aig rian. Tha an fhois agus monbhar gu leòr ann an cuid de na dùthchannan eile cuideachd, ged nach do bhris iad a mach cho follaiseach. Tha e gle choltach gu bheil amannan trioblaideach gu bhi ann an ùine nach eil fad as.

Bidh càirdean Iain Rothaich, á Rudha Mharsden, an <eng>New Zealand,<gai> toilichte chluinntinn gu'n d' thàinig litir gu aon de chàirdean o chionn ghoirid, ag innse gu bheil e 'dol na 's fhearr. Tha e nise comasach air coiseachd eadar an leabaidh 'san teine, agus tha e sior dhol am feobhas. Tha a bhana-chompanach moran na's fhearr cuideachd. Tha sinn an dochas nach fhada gus am bi iad le chéile air an aiseag gu'n slàinte àbhaistich.

Cha'n eil teagamh nach eil Breatunn an dùil gu'm bi aice ri cogadh an ùine ghoirid. Tha i ag ullachadh air a shon gu bras. Tha daingneach làidir ri bhi air a cur suas ann an <eng>St. John's, Newfoundland;<gai> thatar a' cur ma seach tomhas mor guail ann an Esquimalt, B. C., agus tha iomadh ni eile 'ga dheanamh a tha 'g innse gu bheil dùil ri stri.

Chuireadh an cùnntais gu àireamh de luchd-gabhail a' phaipeir a tha air deireadh a thaobh paighidh, o chionn beagan sheachdainean air ais. Fhuair sinn am freagairt a bha dhith oirnn o chuid, ach tha roinn mhath nach d' thug freagairt sam bith oirnn. Tha sinn air son cluinntinn uatha sin gun dàil.

Bha an sgeul mu dheireadh a thàinig ag innse gu robh Mr. Gladstone gle fhaisg air a' chrich. Cha robh dùil ri e mhairsinn ach ùine ghoirid.

Tha toiseach an t-samhraidh 'na dheagh àm gu tòiseachadh air gabhail MHIC-TALLA.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

[TD 373]

[Vol. 6. No. 47. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha àireamh de dh' fhoghlumaichean òga Mhontreal ann an Ceap Breatunn o chionn còrr us mìos, ag amharc troimh na mèinnean. Tha iad a nise an deigh falbh.

Tha eadar sia fichead us seachd fichead 'sa deich de chloinn gu bhi air an toirt gu Halifax á Sasuinn an ùine ghoirid. Is dilleachdain a' chlann sin a' thatar a' toirt a nall air son dachaidhean fhaotainn dhaibh 's an dùthaich so.

Ann an Swatse, an Iapan, bha ceud bat-iasgaich air an sguabadh air

falbh le stoirm agus tuil a thainig deireadh na seachdain s'a chaidh. Tha ceithir cheud deug duine air chall, agus cha 'n eil teagamh nach robh a' mhor chuid dhiubh air am bàthadh.

Tha tuathanaich na dùthcha so a' cur barrachd cruithneachd am bliadhna 'sa b' àbhaist dhaibh. Cha 'n eil fhios car son nach biodh roinn mhor air a chur na h-uile bliadhna; ma mhaireas am flùr cho daor 'sa tha e an dràsda, pàighidh e gle mhath do dhaoine an cuid flùir fhéin a dheanamh.

Ann an <eng>Tyne Valley,<gai> E. P. I., air an t-seachdamh latha deug dhe 'n mhios a dh' fhalbh, bha pàisde le <eng>Mrs. Turner<gai>, aois naodh miosan, air a losgadh gu bàs. Bha e air fhàgail leis fhéin anns an tigh, agus thatar a' deanamh a mach gu 'n deach e rathad an teine 's gu 'n do ghabh a chuid aodaich.

Ann am Petticodiac, N. B., o chionn da sheachdain air ais, bha Cairistiona Mhàrtuinn air a bàthadh, 's i-fhein us feadhain eile a' dol ann am bàta gu ruige <eng>St. John.<gai> Chuireadh am bàta thairis le oiteag gaoithe, agus bha iad uile air an tilgeadh dh' an uisge, ach fhuair eadh cùch a shabhaladh. Bha i ochd bliadhna fichead a dh' aois.

Tha Mr. Cailean Ochiltree Domhnullach air tilleadh á Sasuinn, agus tha e an deigh cuideachd laidir fhaotainn air son na mèinn ùr ghuail a fhuair eadh ann am <eng>Port Morien<gai> fhosgladh agus obrachadh gun dàil. Tha sinn an dochas nach eil mearachd sam bith anns an sgeul so, agus nach fhada 'n ùine gus am bi Port Morien cho soirbheachail 'sa bha e 'sna bliadhnachan a dh' fhalbh.

Chaidh triùir dhaoine a bhàthadh ann an <eng>Queen's Port,<gai> an siorrachd Ghuysboro, air an deicheamh latha dhe 'n mhios. Chaidh iad a mach ann am bàta beag a dh' iasgach sgadain, agus cha 'n fhacas tuilleadh iad gus an d' fhuair eadh cuirp dithis dhiubh air an tràigh faisg air beul na h-acarsaid. Cha d' fhuair eadh corp an treas fir fhathast. B' iasgairean an triùir aca bhar soitheach a bha air tigh'n a stigh do 'n acarsaid air son bidh.

Tha e coltach gur ann am mios meadhonach an fhoghair a bhios aig an t-sluagh ri bhòtadh air son, no an aghaidh, stad a chur air deanamh, creic, agus ceannach stuth làidir ann an Canada. Tha e 'dol a chosg mu dha cheud mìle dolair do 'n dùthaich, agus is coir do dhaoine deagh aire thoirt do 'n ghnòthuch, agus a bhi cinnteach gu bheil tuigse cheart aca air gach ni m'a thimchioll, mu 'n tig an t-àm air son bhòtaidh. Cha 'n eil e ceart do neach sam bith a bhi aineolach air ni cho cudthromach ri so.

Chaochail D'Alton McCarthy, aon de bhuill na h-Ard Phàrlamaid, ann an Ottawa, a sheachdain gus a bhon-dé. Fhuair e ghoirteachadh le tuiteam á carbad beagan lathaichean roimhe sin, agus b'e an goirteachadh sin a dh' aobharaich a bhàs. Bha e air aon de na fir-lagha a b' fhearr a bh' ann an Canada, agus bha e 'na dhuine nach robh aig àm sam bith leisg air a bheachdan 'sa bharailean fhéin a leantuinn gu cogaiseach. Bha e gle mheasail ann an tigh na

pàrlamaid, agus labhair na daoine b' inbheiche air gach taobh dhe 'n tigh uime an deigh a bhàis, a toirt cliù mor air. Rugadh McCarthy ann an ceann a tuath Eirinn.

Chaochail té d' am b' ainm Miss Antionette Nordbec, ann a' Halifacs, air an t-seachdain s'a chaidh, agus 'na tiomnadh dh' fhag i trì fichead mìle dolair aig ceathrar chloine an Urr. Robert Muireach, fear-deasachaidh a' Phresbyterian Witness.

Chaidh tigh-eiridinn Caitliceach a bha ann an St. Hyacinthe, an Cuibeic, 'na theine maduinn Di-luain s'a chaidh, agus bha sianar air an losgadh gu bàs; mharbhadh aon eile le leum a mach air uinneig. Bha cóig de na cuirp gun fhaotainn 'sa mhaduinn Di-màirt.

Tha am flùr air éiridh gu mor ann am pris o chionn da mhios air ais. Mu mheadhon an earraich bha am flùr a b' fhearr 'ga chreic air cóig dolair gu leth ann am baile Halifacs; tha an seòrsa ceudna 'ga chreic an dràsda air ochd dolair. Tha sinn an dòchas nach teid e na 's daoire na sin.

Nach bu chòir do na Gàidheil anns gach àite oidhearp a thoirt air àireamh luchd-gabhail MHIC-TALLA a dhubhlachadh air an t-samhradh. Dh' fhaodadh deich mìle a bhi 'gabhail a phaipeir Ghàilig na 'n deanadh a h-uile Gàidheal a dhleasanas dha thaobh. Co a gheibh aon no dha de chàirdean ùra do MHAC-TALLA?

Chaidh seana bhean d' am b' ainm <eng>Mrs. Adams Archibald<gai>, a bha fuireach air <eng>River John,<gai> an siorrachd Phictou, a losgadh gu bàs air an t-seachdain s'a chaidh. Spraidh lampa a bha i 'laimhseachedh, agus ghabh a cuid aodaich. Fhuair a fear an teine chur as, ach bha i air a losgadh cho dona 's gun do chaochail i. Bha i ceithir fichead 'sa h-aon a dh' aois.

Thatar ag radh gu 'n deachaidh àireamh mhor dhaoine a bha air an turus do 'n Chlondaic, a bhàthadh o chionn ghoirid. Bha àireamh mhor dhiubh a' falbh cuideachd air deigh na h-aimhne, 's gach fear a' tarruinn sleighe. Gun rabhadh sam bith, bhris an deigh fopa, agus bha da dhuin' air fhichead air an slugadh suas, iad fhéin 's an imrich, 's cha 'n fhacas tuilleadh iad.

Iadsan a Phaigh.

Iain Mac Fhionghain, <eng>New Canada.<gai>
Gilleasbuig R. Mac-a-Phearsain, <eng>Blue's Mills.<gai>
\$3.

<eng>Dora<gai> Ghillios, Gleann nan Sgiathanach.
Calum Mac Neill, Mèinn a Reserve.

\$1.50

D. S. Mac Fhionghain, Shunacadie.

.25

Miss Mac Nish, Fingal, Ont.

Iain Ceanadach, Loch na h-Aimhne Deas, N. S.

Domhnall Mac Neill, Loch na h-Aimhne Deas, N. S.

Beataidh Nic Neachtain, Loch na h-Aimhne Deas, N. S.
An t-Urr. R. Mac Coinnich, Arasaig, N. S.
S. D. Mac-a-Phi, Gleann Uilleam, E. P. I.
Iain A. Domhnullach, Beinn an t-Sealgair, E. P. I.
Coinneach Mac Gill-fhinnein, an Amhuinn Mheadhonach.
C. O. Domhnullach, Loch Ghabarus.
<eng>Mrs. H. P. Haskell, Boston, Mass.<gai>
Seumas Mac 'Ille-mhaoil, <eng>Cincinnati, Ohio.<gai>

BAIS.

-Air taobh an ear Loch Ainslie, air an darra latha dhe 'n mhios, Caitriona M., nighean Phàdruig Mhic 'Ille-mhaoil, da bhliadhna dh' aois. B'i an darra te de dhithis nighean ann an teaghlach mor, agus dh' fhàg sin a' bhuille na bu ghoirte. Chuireadh e smaointean air neach a bhì 'faicinn sianar bhràithrean beaga a' caoidh am peathar 's gun an neach bu shine dhiubh thar sia bliadhn' deug a dh' aois. Tha co-fhaireachdain nan càirdean uile aig na pàrantan 'nan trioblaid.

-Aig Loch a' Chanu, air an 9mh latha dhe 'n mhios so, Anna Dhomhnullach, bantrach Lachuinn Mhic-an-t-Saoir, 72 bliadhna dh' aois. Thainig i do 'n dùthaich so còmhla ri 'h-athair 's ri 'màthair á Uidhist a Chinn a Tuath, anns a bhliadhna 1828. Dh' fhàg i coignear mhac agus triùir nighean a' caoidh màthair ghràdhach, chaoimhneil, a bha measail aig na h-uile. Chaidh a tiodhlacadh ann an cladh Loch Ghabarus, agus lean àireamh mhor an giùlan dh' ionnsaidh na h-uaghach.

"Ma thug e leis 'se fein 'thug uaith,
Beannaicht' gach uair biodh 'ainm."

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu
Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Bainne, Airneis-
taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn, agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle thoileach a shealltuinn.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

[TD 374]

[Vol. 6. No. 47. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 371.)

dhiolaidh orra sin agus air daoine Chonnacht tre an tain bho a thug Fearghus uatha agus tre gach dochair eile dhiubh, ionns gu'n robh na diobhaltean agus na dochair a rinn iad leth air leth d'a chéile cho mor sin, agus nan robh leabhraichean sgrìobhte mu an deibhinn, bu ro fhada ri an leughadh an so iad.

A' thaobh Dheirdre, de an d' thainig na gnìomharan sin, bha i am fochair Chonchubair anns an teaghlach aige fad bliadhna an deigh marbhadh clann Uisnich, agus ge bu bheag togail a cinn no gàire a' dheanamh le a beul, cha do rinn i sin re na h-ùine sin. Mar a chunnaic Conchubar nach do thog cluich no caoimhneas deidh oirre, agus nach d' thug àbhachd no àrdachadh aoibhneas no misneach 'na h-aigne, chuir e fios air Eoghan mac Dhurthacht, flaith Fhearmhuighe. Their cuid de na seanachaidhean gur e an t-Eoghan so a mharbh Naoise mac Uisnich an Eamhuinn Macha. Agus air teachd do Eoghan an làthair Chonchubair, thubhairt e rithe, o nach d'fhuair i féin uaithe a h-aigne a' chaochladh o a cumha, gu'm feumadh i dol fad seal le Eoghan; agus le sin chaidh a cur air cùlthaobh Eoghain anns a' charbad, agus Conchubar comhla rithe airson a buileachaidh air Eoghan.

Air dhaibh 'bhith a' triall, bheireadh i sùil air Eoghan roimhpe gu fiadhaich feargach, agus suil eile air Conchubar 'na deigh; oir cha robh dithis air an domhain d'am bu mho thug i fuath na dhaibhsan maraon. Mar a mhothaich Conchubar di, agus i a' coimhead fa seach air féin agus Eoghan thubhairt e tre àbhachd. "A' Dheirdre, is sùil caorach an t-suil sin a bheir thu ormsa agus air Eoghan." Air cluinntinn sin do Dheirdre, ghabh sgeun cho oillteil leis a' bhriathar sin i, agus gu'n d' thug i dubh-leum as a' charbad am mach gus an do bhuail i a ceann air carraig cloiche bha roimhpe, gus an do rinneadh mirean mion-bhriste de ceann, agus leum a h-eanchainn gu h-obann aisde; is ann mar sin a thainig bàs Dheirdre.

(A' chrìoch.)

A MEASG TUATH NA GAIDHEALTACHD. *

LE UILLEAM MAC COINNICH, RUN-CHLEIREACH CUIRT-AN-FHEARAINN.

EARRANN II.

(Air a leantuinn.)

Bha cheann bliadhna no dha bha mi fhéin ag eadar-theangachadh eadar seana-mhaighdinn Ghaidhealaich agus Cùirt an Fhearainn. Cha robh i air son a laimh a thogail idir, ach mu dheireadh thug i a mionnan. La no dha an déigh sin bha mi 'gabhail an rathaid, is choinnich mi a' cheart té agus seana chailleach còmhla rithe. "O," ars ise, "is mi a tha diumhach oirbh-is e sibhse a chuir air mo mhionnan mi an là roimhe." "Car son a ghabh thu iad?" ars a' chailleach. "Dh'fheumainn an gabhail," fhreagair an té eile. "Nach bu tu an òinnseach," ars a' chailleach. "Car son nach d'thuirt thu riutha gu'n robh thu trom!" Tha cuid a' géilleadh nach eil e ceart do bhoirionnach anns an t-suidheachadh sin a dhol air a mionnan.

Is minig a chunnaic mi feadhainn a labhradh Beurla meadhonach math, an aghaidh fianuis a thoirt 's a' chainnt sin. Bhiodh eagal orra gu'm biodh feadhainn eile 'fanaid air am Beurla, no gu'n deanadh iad mearachd na 'n seanchus. Tha cuimhne agam air gille gasda 'fhuair deagh sgoil ach nach robh a' cleachdadh na Beurla. Thàinig e air bialaobh cùirt, is thubhairt am breitheamh ris—<eng>"You speak English, John."<gai> Bha beagan Beurla aig Iain is fhreagair e—<eng>"A few, my Lord."<gai> Thug am freagairt so gàire air cuid, is cha chanadh Iaid smid Bheurla tuilleadh!

'Nuair a bhios cuid do dhaoine ag eadar-theangachadh bho Ghàilig gu Beurla bheir iad freagairtean iongantach aig uairean. Chuala mi iomradh mu lagh a bha an ceàrnaidh àraid de'n Ghàidhealtachd mu dhéidhinn each a chaidh a ghoid. Bha seana bhodach a' toirt fianuis an Gàilig; 's dh' fhoighnich am fear lagha ris—<eng>"Was the horse shod?"<gai> "An robh brògan air an each?" ars' an t-Eadar-theangair. "A rìgh nan gràs," ars am bodach, "am beil an duine air a bhàinidh! Co riabh a chunnaic brògan air each!"

Bha fianuis eile aig an aon chùirt aig an robh Beurla fhad-chasach, chrioplach. Dh' fhoighnich am breitheamh ris—<eng>“What kind of horse was it, Duncan?”<gai> Fhreagair Donnchadh—<eng>“A quadruped horse, my Lord.”<gai>

Bha fear aig an robh Beurla mhòr a 'toirt fianuis aig uair eile mu dheidhinn Sanas àraid a chunnaic e air dorus eaglais fada bho dhachaidh fhéin. Dh' fhoighnich am breitheamh ris ciod e bha esan a' deanamh aig eaglais mar sid cho fada bho thigh fhein. Fhreagair e gu socrach, a' deanamh stad beag eadar a h-uile facal—<eng>“Well, my Lord, there was a rumor of sheriff-officers coming to the country to warn the tenants out of their holdings, and I went to the districts concerned to advise the people against the use of physical force in their paroxysm of land hunger.”<gai>

Chuala mi mu sheann duine a bha air bialaobh cuirt is dh' fhoighnich am breitheamh ris mu 'theaghlach. Fhreagair e nach robh aige ach aon nighean agus gu'n d'fhàg ise-fhein a nis e. 'Si an ath cheist a chuirteadh ris—“C'ait' am beil i?” Fhreagair am bodach—“Tha i air a mànràn fhein cuide ri fear eile.” Chuir an t-eadar-theangair am Beurla mar so e—<eng>“She is enjoying herself with another man”<gai>—freagairt a thug lachan gàire air a h-uile duine 'sa' chuirteadh. Nise bha am freagairt mar thug am bodach e tuigseach gu leòr; bha 'n nighean an déigh pòsadh, 's i air tigh dhi-fhein

Tha cuimhne agam air seann duine a bha a' toirt fianuis an cainnt a mhathar, agus an déigh dha a' chùirt fhàgail thuirt e ris a' chiad fhear a choinnich e—“'S mise bh'air mo mhaslachadh an diugh. Bha mi 'na mo sheasamh an sid air am bialaobh fad uair an uaireadair is mo theanga ann am pluic fir eile.”

Tha an sean-fhacal ag radh gu'm bi am fear a th'air tìr an dùil gur h-i a làimh fhéin is fhearr air an stiùir. Is ann mar sin a tha e leis an eadar-theangachadh. Cha'n 'eil an obair idir cho fearas a dheanamh ceart 's a shaoileadh muinntir nach do dh'fhiach rithe.

Bha maighstir-sgoil uaireigin an Uibhist a bhiodh ag iarraidh air an òigridh na briathran so eadar-theangachadh facal air an fhacal air mhodh is gu'm biodh iad tuigseach do Ghall—

“Taodan beag, caol, cruaidh naoi duail,
Air aon laoghan beag, maol, ruadh Mairi.”

Ged a bhios cuid de na Gaidheil a' cumhnadh na Beurla an uair bu mho feum orre an cuirt bithidh pailteas aca dhi 'nuair a ruigeas iad an dachaidhean fhein. Tha cuimhne agam air turus a bha mi ann am baile beag cuide ri fear-meas. Bha buaireadh air chor-eigin mu chrìch eadar da chroit. Dh' fhoighnich am fear-meas ri seana bhoirionnach a bha an sin—<eng>“Whose land is this I am standing on?”<gai> Chuir mi-fhein so an Gàilig, is fhreagair a' chailleach gu'm bu leatha-sa e. 'S i an ath cheist—<eng>“Whose land is that other rig?”<gai> Cha d'fhuirich a' chailleach ri so a chur an Gàilig dhi, is fhreagair i—<eng>“That is Donald MacDonald's; his extremities are next to

mine!"<gai>

Is iomadh trioblaid a dh'èireas mu chriochan, agus gu tric is beag is fhiach an t-aobhar-connspaid. "Fhuirich air do thaobh fhein de'n chlais, uile-biast," ars a' seann fhleasgach ri a bhana-choimhearsnach. "Cha 'n 'eil mise ag iarraidh ach ceartas" ars ise; "cha gabhainne uidhir 's a tha dubh dhe m' ionga dhe do chuid, a' mhiosein."

Chaidh an t-uachdaran a dh'fhiachainn ri réite 'dheanamh eadar seann fhleasgach is bantrach a bha am baile beag. "A Dhòmhnuille," ars esan, "ciod e is ciall do 'n dol-amach a th'eadar thu-fhein is Mòr. Pòs i; cuiribh an dà chroit ri chéile, is cha chuir criochan tuille trioblaid oirbh." "An e mise 'phòsadh ise!" ars a Dhòmhnuille. Chaidh e an sin gu tigh na bantraich is thuirt e rithe gu'm b'fheàrr di-fhein is do Dhòmhnuille pòsadh, is gu'm biodh am baile aca dhoibh-fhein. "An e mise 'phòsadh esan" ars a Mòr. Cha deachaidh a' chrioch ud a chur ceart fhathas!

Cha'n 'eil cànan a tha cho taitneach do chridhe a' Ghaidheil ris a' Ghàilig, agus 'nuair bhios e air fuadan a measg nan Gall tha i cho bhinn 'na chluasan ri ceòl a sìth-bhruth. Bha Muileach uaireigin 's an taobh-deas, is air dha tilleadh dhachaidh thuirt e ri a mhuinntir mar so—"Rainig mi Grianaig far nach tuigeadh na daoine chéile; ach 'nuair thill mi do Thobar-Mhuire mhòr nan gràs againn fhéin thog mo chridhe ris, is chuala mi an coileach a' goirsinn an Gàilig."

Ach ged bhios sinn uile dha 'moladh tha

[TD 375]

[Vol. 6. No. 47. p. 7]

mòran againn a tha dha 'milleadh. Cha toigh leam fhein Gaidheal fhaicinn a bhios a' sparradh facal Beurla an sid 'san so a measg na Gàilig. Chuala mi mu fhear a bha a' gearan air fliuchad an rathaid, "ach," ars esan, "ged bhiodh e <eng>disagreeable<gai> is <eng>gutters to the knee<gai> ann rachainn a visitheadh na lass."

Bha fear eile ann, is chaidh e le gamhainn gu féill. Cha d'fhuair a prìs gu leòr air is thug e dhachaidh e. "Car son nach do reic thu an Druim-fhionn?" ars a bhean. "Cha d'fhuair mi am <eng>price<gai> air," ars esan. "Nach d'fhuair thu tairgse idir air?" ars a bhean. "Well," ars esan, dh'offerig Droghair <eng>Five Pounds<gai> dhomh air ach cha do dh'accept mi e."

Bha duine eile anns a' Ghàidhealtachd a thug cuairt mu dheas. Thill e dhachaidh le mòr-ionnsachadh, na'm b'fhior, is co ach e? Latha dhe na làithean bha deasboireachd eadar e-fhein is fear de na coimhearsnaich mu chreideamh. Fhreagair am fear a thug sgrìob gu deas—"Cha'n 'eil mi-fhéin 'na mo shectarian cho mor 's gu'm beil mi a' beilieveadh gu'm beil <eng>Christianity<gai> air a chonfineadh ri <eng>denomination<gai> sam bith!"

(Ri leantuinn.)

TRATHAN NA BLIADHNA.

“Rinn thu an samhradh agus an geamhradh.”—Salm lxxiv: 17.

Tha coinneach nan laithean aosmhor a' caramh meas 'us uaill air seanachas aon de chairdean Ioib: “Ged nach tig amhgar a mach as an duslach agus nach fas carraid as an talamh, gidheadh rugadh an duine chum carraid mar a dh' eireas na sradan suas.” Ged a bha Iob co diadhaidh, ionraic, bha e air fhiosrachadh le deuchainnean craiteach. Fhuair e fuasgladh, fa-dheoidh, as gach teanntachd anns an robh e; dh' eirich grian an t-soirbheachaidh air a rithist, agus bheannaich an Tighearna deireadh Ioib ni 's mo na thoiseach. Is iomadh cradh, 'us aimhreit, 'us dragh a bha aig Daibhidh, Salmadair binn Israeil, gaisgeach curanta nan lann. Gidheadh, tha e 'g radh, “Is math dhomhsa gu robh mi ann an amhghar 'chum gu foghlumainn do reachdan.” “Tha fhios agamsa, a Thighearna, gu bheil do bhreitheanais ceart agus gur ann an firinn a chlaoidh thu mi.” “Is ann le moran fulangais a gheibh sinn an oighreachd sin a tha neo-thruaillidh, neo-shalach, agus nach searg as. Bu deurach, bronach, mi-cheisteach a chaith Iosa Criosda, Ceannard ar Slainte, a laithean air an talamh. Bha e 'na dhuine dhoilghiosan agus eolach air bron.” “A mhuinntir mo ghraidh,” tha Peadar a' sgrìobhadh, “na bitheadh iongantais oirbh a thaobh na deuchainn theinntich a thig oirbh chum ur dearbhadh, mar gu 'n tarladh ni-eiginn neo-ghuathach duibh, ach do bhrìgh gu bheil sibh n' ur luchd comhpairt de fhulangasaibh Chrìosda, deanaibh gairdeachas; chum mar an ceudna ann an am foillseachaidh a ghloire gu 'n dean sibh gairdeachas le h-aoibhneas ro-mhor.”

Faodaidh sinn samhladh air gras foghainteach an Tighearna 'fhaicinn anns a gheamhradh, “Co geal ris an t sneachd.” Is e so gnath-fhocal air a' bheil sinn uile min-eolach. An uair a thuiteas e gu pailt air cnoc 'us comhnard, air fardach 'us faiche, air na craobhan arda 's air na sruthan fuaimneach; an uair a tha e sgeadachadh aodann na talmhainn gu h-iomlan, ciod e 'n ni a chuireas sinn ann an coimeas ris airson sgeimh 'us gloineid? Cha 'n eil smal, no sal, no sgleo ra 'm faicinn am feadh a tha e mar bhrat uallach, no mar thrusgan eireachdail a' comhdachadh nam beann 's nan srathan, 's a' cur sgeimh lurach air gach aitreabh 's air gach slighe. Nach dileas 'us nach boidheach an samhladh e air firinntachd Iosa Criosda, an fhirinntachd sin airson an tug E a bheatha luachmhor, an t-ionmhas spioradail sin a shaoras sinn bho lagh a pheacaidh agus a bhais. Cha 'n eil eideadh a gheamhraidh, an fhallainn gheal, shneachdach, air a sgaoileadh thairis air cuibhrionn no air cearn de 'n dùthaich—tha e sgeadachadh le 'chulaidh gheal na tire gu leir, agus air a mhadh so tha e 'n a shamhladh iomchuidh air cia co fial, farsuing, fiughanta 's a tha teachdaireachd na sìthe. Cha 'n eil eadar-dhealachadh air bith air a dheanadh anns a chuireadh ghrasmhor charthannach a tha Iosa 'toirt seachad. Tha E air a thairgseadh gu fialaidh us gu saor, gun airgiod 'us gun luach do gach neach 'us fine, do gach uachdaran

'us iochdaran; eadhon mar an sneachda, comharradh cinnteach agus companach dileas a gheamhraidh, anns an dùthaich fharsuing anns a' bheil sinn a' tuineachadh; a' tuiteam 's a laidhe air gach bruthach corrach, 's air gach machair leathann, reidh.

RENA.

AN DA LEIGHEAS

AGUS <eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteannais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaisg air laimh. Ma tha thu air son Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig

Niall Mac Fhearghais,

an Taillear,

agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.

Cordaidh 'Obair Riut.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.

SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,

Fear-tagraidh. Comhairliche

Notair, &c.

Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia

Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>

SIDNI, - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>

Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.

SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-

E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 376]

[Vol. 6. No. 47. p. 8]

Mac-Griogair o Ruath-shruth.

Tha mulad, tha mulad,
Tha mulad ga m' lionadh;
Tha mulad bochd, truagh orm,
Nach dual dhomh chaoidh dhireadh.

Mu Mhac-Griogair o Ruath-shruth,
D' am bu dual bhi 'n Gleann-liobhann,
Mu Mac-Griogair nam bratach
D' am bu tartarach pioban.

D' am bu shuaicheantas giubhas,
Ri bruthach 'ga dhireadh,
Crann caol air dheadh lochdradh
'S ite dhosach an fhìr-eoin.

Crann caol air dheadh shnaitheadh
Cuid de dh' aighear mhic rìgh e,
Ann an laimh dheadh Mhic Mhuirich
Ga 'cumail réidh dìreach.

Ged a bhuail e mi 'm balach
Ga m' ghearan cha bhi mi,
Ged a rinn iad orm eucoir
A thi fein co 'ni 'dhioladh?

'S luchd a ghabhail mo leith-sgeil
Anns a' chaibeal so shìos uam,
Luchd a sheasamh mo chòrach,
Is e mo leòn iad bhi dhi orm.

Mo chomh-dhaltan gaolach,
An leabaidh chaoil 'san ceann iosal,
Ann an leine chaoil annairt,
Gun bhannan, gun siod oirr'.

'S nach iarr sibh ga 'fuaigheal,
Mnathan uaisle na tire,
Ort bheirinn-se comhairl'
Na 'n gabhadh tu dhìom i.

'Nuair a theid thu 'n tigh-òsda
Na òl ann ach aon deoch,
Gabh do dhrama ad sheasamh,
Is bi freasd'lach mu d' dhaoine.

Na dean diùthadh mu d' shoitheach
Gabh an ladhar no taoman,
Dean am Foghar de 'n Gheamhradh
'S dean an Samhradh de 'n Fhaoiltich.

Dean do leaba 's na creagan
Is na caidil ach aotram,
Ge h-ainneamh an fheòrag,
Gheibhear seòl air a faotainn.

Ge h-ainneamh an fheòrag,
Gheibhear seòl air a faotainn,
Ge h-uasal an t-seobhag,
Is tric a ghabhar le foill i.

Nighean Thriath Uilinn.

Ghlaodh gaisgeach Gaidhealach, 's b'àrd a ghuth-
"A phortair furtaich sinne,
Is fichead tasdan bheir mi dhuit,
Gu 'r cur taobh thall na linne."

"Cò sibhse rachadh thar Loch-Goill
'S na siantan oillteil uile?"
"Air eilean Ulbha 's mise 's oighr'-
'S i 'mhaighdean nighean Thriath Uilinn-

"Luchd-taighe 'h-athar oirnn tha 'n geall,
'S ruaig sinn gu teann dà latha;
'S na 'n d' rug iad oirne anns a' ghleann,
Bhiodh m' fhuil na steall mu thalamh.

"A mharc-shluagh nis tha aig ar sàil,
Bidh iad gun dàil 'san t-sealladh;
Is cò bheir misneach do mo ghràdh
Ma mharbhas iad a leannan?"

Fhreagair am portair le guth àrd-

“Gun dàil tha mise ’tighinn,
Cha ’n ann air son nan tasdan bàn,
Ach ’s ann air sgàth na h-ighinn!

“Air m’ fhacal-sa cha bhi do luaidh
’An cunnart cruaidh ni ’s fhaide,
Oir ged a dh’ éirich gàir nan stuadh-
Gheibh sibh gu luath an t-aiseag.”

Nis bhòc an doinionn-shéid a’ ghaoth-
’S bha ’n caol na chaoiribh geala,
’S bhuaile eagal orra air gach taobh
Mar dhaoin’ a chunnaic tannasg.

Ach ged bu ghàbhaidh gleachd an stoirm
Os cionn gach toirm is farum,
A nuas an gleann gu ’n cualas srann
Luchd-lann a’ teachd le starum.

“Greas ort, greas ort!” gu ’n d’ ghlaodh an òigh,
“Ged las na neòil ’s an adhar,
Earbsam á Freasdal ’s á cuan mòr
Seach dol an còmhair m’ athar.”

Fhuair iad ’s a’ bhàta-dh’ fhàg i tìr-
Faic iad a’ strìth ’s an doinionn,
Ach O! tha gàirdean feòlmhor fann
’Nuair dh’ éireas greann nan tonnan.

Is dh’ iomair iad gu gaisgeil, treun,
Measg thonnann breun na linne;
’Nuair ruig Triath Uilinn taobh a’ chuain
Ghrad mhùth a ghruaim gu tioma;

Oir chunn’ e ’nighean ’b ’àille snuadh,
’S a’ chuan, ’s e ’ruith ’na ghleannan,
Ri cobhair sìnnite bha aon làimh,
’N té eile teann m’ a leannan.

“O! tillibh, tillibh!” b’ àrd a ghlaodh-
“Air ais a ghaoil dean tighinn,
Dhuibh bheir mi mathanas gu saor-
Mo nighean chaoin, mo nighean?”

Na tuinn neo-ìochdmhor bhrìst air tràigh-
Cha robh e ’n dàn dhaibh tilleadh;
Triath Uilinn chunnaic e mar bha,
’S a dheòir gu làr rinn sileadh.

Eadar. le FIONN.

[Dearbh]
Tha sinn a nise ’nar luchd-gnothuich aig a

CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh thu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

DH' IARRAMAID AIR
NA GAIDHEIL

's air muinntir eile a tha air son <eng>"Typewriter"<gai> a
cheannach, iad a dh' fheuchainn ainm na
Blickensderfer No. 5,
mu 'n ceannaich iad seorsa sam bith eile. A phris, \$35.00.

Tha seorsachan eil againn cuideachd.

<eng>CREELMAN BROS, Typewriter Co.,
15 Adelaide St., East,
Toronto, - - ONT.<gai>

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seorsa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
MA tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN AGUS BROGAN.

Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn
-'g an creic-
SAOR! SAOR!
SIDNI, C. B. JOST BROS. 13 MAIGH, '97

[TD 377]

[Vol. 6. No. 48. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 27 MAIGH, 1898. No. 48.

LITIR A ALBA.

Bodachan a' ghàraidh
Cho friogadaeh 's cho frogadach,
Bodachan a' ghàraidh
Cho frogadach 's a bha e riamh.

MO BHALACH GASDA,—Mar a tha 'n sean fhacal ag ràdh, “Is fheairrde brà a breacadh, ach gun a bristeadh.” Tha thu fhein is àireamh de luchd-leughaidh a' MHIC-TALLA a' gearain nach 'eil mi 'sgriobhadh ugad na's trice na tha mi 'deanamh. Bidh mi bruidhinn air sgrìobhadh ugad gu math tric ach dh' eirich dhomh mar a dh'eirich do sheann fhleasgach còir air an robh mi eòlach aon uair. Bhiodh daoine gu math tric ag ràdh ris, “Am bheil guth agad air pòsadh, Iain?” Is e an fhreagairt a bheireadh e orra mar bu trice, “Is fhearr leam a bhith bruidhinn air na 'dheanamh.” Is fhearr leamsa bhith bruidhinn air sgrìobhadh na suidhe aig a' bhòrd a sgrìobhadh. Ach leis a h-uile tudanadh a tha mi 'faighinn uat fhein agus o d' Chàirdean, feumaidh mi oidhirp a thort air sgrìobhadh ugad 'na dheigh so gu math na's trice na b' àbhaist dhomh. Tuigidh duine sam bith a smaoinicheas air, nach urrainn mòran de shunnd sgrìobhadh a bhith air fear sam bith a bhios crom, crotach ann an gàradh o mhoch gu dubh. Tha fhios agam gu'm bheil mòran de luchd-leughaidh a' MHIC-TALLA gu math trang aig obair o latha gu latha, agus an uair a thig iad dhachaidh gle anamoch 's an fheasgar, cha'n urrainn gu'm bi mòran sunnd sgrìobhaidh orra.

Tha bhliadhna so gle chruaidh air iomadh duine bochd air feadh Gaidhealtachd na h-Alba. O thoiseach na bliadhna bha'n t-side, mar bu trice, anabarrach fliuch, fuar, stoirmeil. Bha 'm fodar anabarrach gann. Mu'n d' thainig meadhain an earraich, b'ainneamh iodhlann anns am faicteadh cruach arbhair. B'eiginn do dh'iomadh fear biadh fhaotainn do'n spreidh á Grianraig 's á Ghlascho. Chosg iad so suim mòr a' ceannach min phonair, min Innseanach, agus fheoir, a chum an spreidh a chumail beò. Tha'n tuna feoir, leis an fharadh, a' cosg sia puinnd Shasunnach. Ach an duine bochd aig nach 'eil òr no airgiod 'na laimh, cha'n urrainn e min no feur fhaotainn ged a gheibheadh an spreidh bàs air an urlar aige. Tha na cnàmhan gu tighinn troimh 'n t-seice aig cuid de chrodh na duthchadh. Bidh leith an t-samhraidh seachad mu'n gabh iad culaidh idir. Tha iad a' cur 'n am chuimhne ceathramh de dh'oran a chuala mi an uair a bha mi 'n am Dhonnachadh òg. Tha e air aithris gur e duine còir a bha aon uair ann an Uidhist a rinn e. Cheannaich e mart gus a marbhadh, agus tha 'chùis coltach gu'n robh i anabarrach caol. Rinn e òran dhi, oir bha grìd na bàrdachd ann gu nàdurra. So an ceathramh a tha freagarrach air iomadh te de chrodh na duthchadh am bliadhna; agus ged a tha corr is dà fhichead bliadhna o'n a chuala mi e, cha

deachaidh e as mo chuimhne riamh fhathast.-

“Sann agad tha’n amhach
A rachadh troimh ’n fhainne,
An iasgaid a’s caoile fo’n
Chaol-druim a’s grainde,

Do shlinnean ’s do chruachan
Mar chruaidh anns an rasar,
Do thainne ’s do bhòdhan
Mar chòsan am fàsach.”

Cha mhòr nach ’eil sinn air ar bodhradh ’s air ar dalladh eadar a bhith cluinntinn agus a bhith leughadh mu thimchioll na bheil de chogaidhean aims an t-saoghal. Fhuair na saighdearan Breatunnach am feuchainn gu math araon a’ ciosnachadh nan cinneach fiadhaich a tha ’cumail crìche ri Breatunn anns na h-Innsibh an Ear, agus ri ceannsachadh nan daoine fiadhaich a th’ ann an ceann shuas na h-Eiphit, ris an canar, “na Derbhishis.” Ach, mar bu ghnath leotha, thug Breatunn buaidh air gach aon dhiubh.

Tha sin a nis air ar lionadh le naigheachdan mu thimchioll a’ chogaidh a th’ eadar an <eng>Spain<gai> agus Staidean <eng>America<gai>. Ged bu mhath leis a’ mhòr-shluagh gu’m faigheadh na Staidean buaidh air a’ cheann mu dheireadh, tha iad car coma ged a bheireadh an Spainn buille mhath no dhà dhaibh. Cha do leig sluagh na rioghachd so fhathast air dichuimhne na bagraidhean garbha a bha na Staidean a’ toirt air Breatunn an uiridh. Tha feum aca nach deachaidh Breatunn ’nan dàil, Na’n deachaidh, cha’n fhàgadh loingeas chogaidh na rioghachd againn clach air muin cloiche ann an aon dhe na bailtean mòra a th’ air cois a’ chladaich ann an <eng>America<gai>. Is ann a nis a tha na h-Americanaich a’ faicinn cho beag ’sa tha de chumhachd aca air a’ mhuir. Is gann a tha iad deas gu buaidh a thoirt air an Spainn.

Is e mo mhiann fhein gu’m faigheadh <eng>America<gai> lamh an uachdar air an Spain gun dail. Mar is luaithe a sguireas an cogadh eadar an dà rioghachd, ’s ann a’s fhearr.

Ma’s fhìor na bheil sinn a’ cluinntinn, tha làn àm aig muinntir Chuba saorsa fhaotainn. Tha’ ’chuis coltach gu’m bheil na truaghain air am foir-eigheadh gu mòr. Ach is cinnteach gu’m bheil pàirt dhe choire sin aca fhein. Is ainneamh leis an eucoir ’s leis an fhòirneart a bhith buileach glan air an aon taobh. Tha dà thaobh air a Mhaoil, agus tha dà thaobh air gach sgeul a tha air aithris mu thimchioll na bha dol air aghart ann an Cuba o chionn trì bliadhna. Mu’n ruig an litir so thu, tha dòchas agam gu’m bi crìoch air a’ chogadh, agus gu’m bi reite air a dheanamh eadar an dà rioghachd.

Tha ’n cogadh an deis dolaidh mhor a dheanamh dhuinne mar tha. Tha prìs na mine air éirigh anabarrach àrd. Bidh so gle throm air iomadh duine bochd anns an duthaich mu’n teirig an samhradh. Ged a bhiodh prìs mhath air crodh, cha tog crodh na Gàidhealtachd prìs mhor sam bith, o’n a tha iad cho caol. Tha h-uile àite ’fuireach cho lom leis

cho fuar 's a tha 'n t-side 's nach 'eil am feur a' fas ach gle mhall. Ged a tha 'n garadh agam fhein gu math fasnach, cha 'n 'eil na frasan a chuir mi a' fàs a leith cho bras 's a b' abhaist dhaibh.

Tha'n litir so fada gu leor air son na bheil a dh' fheum innte. Feuchaidh mi ri sgrìobhadh ugad mu'n d'thig Lath' Fheill Sheathan.

Is mi do charaid an là a chì 's nach fhaic,

BODACHAN A' GHARaidH.
Taobh an Locha,
Seann Latha Bealltain, '98.

TRATHAN NA BLIADHNA.

"Rinn thu an samhradh agus an geamhradh."—Salm lxxiv: 17.

Bithidh an geamhradh statail re a mhiosan fein. Fa-dheoidh, leaghaidh an sneachd 's an reothadh air falbh. Cha bhi culaidh gheal, bhoidheach ni 's mo a' sgeadachadh nan sliabh, 'us nan lear, 'us nan learg, 'us nan ionadan iosal. Mosglaidh gach magh, 'us srath, 'us ailean, 'us airidh, 'us craobh, 'us lus, as a chadal dhomhainn anns an robh iad. Ath-nuadhaichear aghaidh saothair 'us dichìoll le durachd ùr gus am faicear ann an uine ghearr snuadh dreachmhor, aoidheil air gach dail 'us ionaltradh, air gach fraoch 'us feur, air gach caol 'us cuan. Ach cha 'n ann mar so idir a tha 'n geamhradh a tha 'm bàs gle thrìc, 'us gun bhaigh air bith, a' toirt a dh' ionnsuidh iomadh neach air a thasgadh ann an tigh cumhann, samhach a bhais. Cha 'n ath-nuadhaichear

(Air a leantuinn air taobh 380.)

[TD 378]

[Vol. 6. No. 48. p. 2]

EACHDRAIDH NAN CAIMBEULACH.

Air a leantuinn.

Cha do dh' fhan Gilleasbuig ro fhada anns a' chogadh. Thàinig e dhachaidh anns a bhliadhna 1705, agus shuidhich an riaghladh e na Fhear-coimhead an ionmhais an Alba. Ann an ùine ghoirid nochd e gu 'n robh e comasach mar fhear labhairt, agus bho cheum gu ceum thainig e gu bhi ann an àrd-sheasaimh anns a phàrlamaid. Aig an àm so 's e chùis bu chudthromaiche bha fa chomhair an riaghlaidh: am bitheadh, no nach bitheadh, pàrlamaid Alba agus pàrlamaid Shasuinn air an aonadh ri chéile. Bha moran de na h-Albannaich dian an aghaidh an aonaidh so. Bha eagal orra nan tachradh e, gur e Sasunn a bhiodh ga 'n riaghladh 's nach b' iad féin. Bha iad mar an ceudna de 'n bheachd gu 'm biodh cisean gu mor air an tromachadh an Alba; ni a thachair. Ach air son sin uile bha 'n t-aonadh air a cheann mu

dheireadh 'na bhuannachd do Alba. Anns a bhliadhna 1706, bha deich duine fichead air gach taobh air an sònrachadh leis an da riaghladh, a chum gun tigeadh iad cuideachd agus gu 'n còrdadh' iad, na 'm bu chomas, air cùmhnantan aonaidh a bhiodh freagarrach air son gach pàirt de 'n rioghachd. Bha Gilleasbuig Earraghaeil air aon de 'n mhuinntir a shònraich riaghladh Alba air son a ghnòthuich so. Tharruing iad so a mach cùmhnantan aonaidh leis an robh an da phàrlamaid riaraichte. Ghabh an t-aonadh àite air an ath bhliadhna, 1707. Uaithe sin a mach gu àm a bhàis bha Gilleasbuig air a thaghadh mar aon de na h-àrd-uaislean aig an robh àite suidhe anns a' phàrlamaid aonaichte. Aig àm aramach na bliadhna 1715 chaidh e mach air taobh rìgh Deòrsa, ged bha deich bliadhna roimhe sin bho 'n leig e dheth an t-saighdearachd. Thug Seanailear Gordon ionnsaidh gharbh air baile-mor Inbhir-aoraidh a ghlacadh. Thainig e air le tri mìle ceathairneach aige fo chomann. Gu fortanach do shluagh a' bhaile, bha Gilleasbuig an sean saighdear, le feachd air an cùl ga 'n dian. Mur b'e treubhantas an laoich, bhiodh Inbhir-aoraidh air a chur na smàl.

Fhuair Gilleasbuig oighreachd Earraghaeil anns a' bhliadhna 1743, 'n uair chaochail a bhrathair Diùc Iain, agus air an ath bhliadhna thòisich e air togail caisteal ùr Inbhir-aoraidh. Tha 'n caisteal 'na sheasamh an diugh anns a cheart doigh anns na dh' fhad 'se e. 'Nuair bha aramach bliadhna Thearlaich, -1745, -seachad, chomhairlich Gilleasbuig do rìgh Deòrsa II., àite thoirt do na Gàidheil anns an arm, agus gu 'm biodh barrachd buaidh aige sin orra chum sith a dheanamh nam measg na bhiodh aig peanas air bith a b' urrainn an riaghladh a dheanamh orra. 'S ann mar sin a bha. Thòisich na Gàidheil air gabhail anns an arm dhearg; agus bho 'n latha sin gus an latha 'n diugh c' àite bheil saighdearan cho dileas agus cho seasmach air taobh a chrùin ris na Gàidheil, a bha aon uair cho draghail do 'n riaghladh agus cho duilich an cumail fo smachd?

Bha Gilleasbuig, an treas Diùc, pòsda ri ban-Sasunnaich, <eng>(Miss Whitfield), <gai> ach cha robh teaghlach aca. Chaochail e anns a bhliadhna 1761. Bha e tri fichead bliadhna 'sa naoidh deug a dh' aois aig àm a bhais. Thàinig

IAIN, mac brathar 'athar, a stigh air an oighreach 'na àite. Bu mhac Iain so do 'n Onorach Iain Caimbeul, na Mam-móire, dara mac an naodhamh Iarla agus brathair Ghilleasbuig, a cheud Diùc. B' esan an ceathramh Diùc Earraghael. Bha e greis de ùine 'na chòirneal air an reiseamaid each ainmeil ud, na <eng>Scot's Greys.<gai> Fhuair e mar an ceudna bhì na sheanalair anns an arm. Bha bhàrr air sin, àite-suidhe aige am pàrlamaid na rioghachd gu àm a bhàis. Bha e pòsda ri nighean Tighearna Bhalleden. Bha ceathrar mhac agus aon nighean aige: Iain, Eanruic, Frederick, Uilleam agus Màiri. Bha Uilleam, an ceathramh mac, na àrd-riaghlair an Nuadh Albainn.

Chaochail an ceathramh Diùc anns a' bhliadhna 1770. Thainig

IAIN, a mac bu shine aige, 'stigh 'na àite air an oighreachd. B' esan an coigeamh Diùc Earraghael. Bha e 'na àrd-oifigeach anns an arm. Bha e 'na shaighdear math agus 'na dhuine cliùiteach. Phòs e

bantrach Diùc Hamilton. Bha ceathrair chloinne aige: dithis mhac agus dithis nighean. Chaochail an còigeamh Diùc 'na chaisteal féin an Inbhir-aoraidh anns a bhliadhna 1806, agus bha e air 'adhlacadh an àit'-adhlacaidh a shinnsir an Cill-mun. B'e a mhac bu shine,

SEORAS UILLEAM, a b' oighre air. B'e an siathamh Diùc Eorraghael. Rugadh e anns a bhliadhna 1768. Phòs e anns a bhliadhna 1810, nighean Iarla Jersey. Cha robh clann aca. Chaochail e an Inbher-aoraidh anns a bhliadhna 1839.

Ri leantuinn.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

Na Tri Ubhlan.

CAIB. III.

An uair a chual' an t-ard-chomhairleach na briathran so a labhair am paisde ris, ghlaodh e 'mach le iognadh agus le aoibhneas; agus an uair a chuir e lamh ann an uchd a' phaisde, thug e 'mach an t-ubhal as.

O'n a bha Rihan, an seirbhiseach, dluth air laimh, thugadh 'na lathair e gun dail sam bith.

"A dhearg shlaughtire," ars' esan, "c'aite an d'fhuair thu an t-ubhal so?"

"Mo thighearna," ars' an seirbhiseach, "tha mi 'toirt mo mhionnan nach do ghoid mi as an taigh agaibhse e, no a garadh an righ; ach an latha roimhe an uair a bha mi 'coiseachd air an t-sraid, thachair triuir no cheathrar chloinne rium a' cluich. Bha'n t-ubhal aig fear dhiubh 'na laimh, agus spion mi uaithe e, agus ghabh mi romham. Ruith am paisde 'nam dheigh, agus thuirt e, rium nach b' ann leis fhein a bha 'n t-ubhal idir, ach gur ann a bha e le 'mhathair. Thuirt e rium mar an ceudna, gu'n robh a mhathair 'na laidhe tinn, agus o'n a ghabh i miann air ubhlan, gu'n deachaidh 'athair air astar fada 'gan iarraidh, agus gu'n d' thug e leis e gun fhios dha mhathair. Bha e 'g a iarraidh, orm gus an robh e sgith; ach cha tugainn dha e. Thug mi leam dhachaidh e, agus reic mi air son da bhonn oir i ris an nighinn a's oige agaibh fhein. Sin agaibh an tul fhirinn mu 'n chuis."

Cha b'urrainn an t-ard-chomhairleach gun iognadh a ghabhail air son mar a chuir slaoightearachd an t-seirbhisich bean a bha neo-chiontach gu bas, agus mar a theab e fhein a bheatha 'chall air a shailleamh. Thug e an seirbhiseach leis far an robh an righ, agus dh'innis e do 'n righ facal air an fhacal mar a thuirt an seirbhiseach ris, agus mar a thachair dha fios fhaotainn gur e an seirbhiseach a bha ciontach.

Ged a bha iognadh anabarrach mor air an righ, an uair a chual' e an

naigheachd a dh'innis Giafar dha, cha b' urrainn e cumail air o ghaire. Mu dheireadh an uair a sguir e 'ghaireachdaich, thuirt e, agus gruaim air a ghnuis, o 'n is e an seirbhiseach bu mhathair-aobhair do'n olc mhor a rinneadh, feumar peanas a dheanamh air a reir a chionta.

"Le'r cead, a righ," ars' an t-ard-chomhairleach, "tha mi 'g aideachadh gu'm bheil e ceart gu leor peanas dligheach a dheanamh air, ach tha mi 'smaoineachadh gu'm faoidteadh mathanas a thoirt dha. Tha mi 'cuimhneachadh air naigheachd iongantach a chuala mi mu thimchioll ard-chomhairleach a bha ann an Cairo, do 'm b' ainm, Nuredin Ali, agus Bedredin Hasan a bh' ann am Balsora. Agus o'n a tha tlachd agaibh a bhith cluinntinn naigheachdan dhe 'n t-seorsa tha mi deas gus a b-innseadh dhuibh, air chumhnanta gu'n toir sibh mathanas do m' sheirbhiseach, ma shaoileas sibh gu'm bheil i na's iongantaiche na 'n naigheachd a chuala sibh mar tha."

"Tha mi toileach eisdeachd ri do naigheachd," ars' an righ; "ach tha thu gabhail obair gle dhoirbh air laimh, oir cha'n 'eil mi 'creidsinn gur urrainn dut naigheachd innseadh a's iongantaiche na'n naigheachd mu na h-ubhlan."

An uair a chuala Giafar so, thoisich e ri innseadh a naigheachd mar so:-

Anns an am a dh' fhalbh bha righ air an Eiphit a bha 'na dhuine ceart, iochdmhor, trocaireach, agus fialaidh. Bha e cho treun, cumhachdach 's gun robh e 'na chulaidh-eagail dha choimhearsnaich gu leir. Bha e caoimhneil ris na bochdan, agus na charaid do na daoine foghlumte do'n robh e 'toirt suidheachadh urramach a reir mar a b'airidh iad air. Bha ard-chomhairleach an righ so 'na dhuine turail, glic, tuigseach, agus gle fhogluimte anns gach doigh. Bha dithis

[TD 379]

[Vol. 6. No. 48. p. 3]

mhac aig an ard-chomhairleach so, agus bha iad 'nan daoine anabarrach eireachdail. Bha iad anns doigh a' leantuinn cos-chumannan an athar. B' e ainm an fhir bu shine, Shemsedin Mohamed, agus b'e ainm an fhir a b' oige, Nuredin Ali. Bha'm fear a b'oige gu sonraichte 'na dhuine a bha anabarrach turail, tlachdmhor anns gach doigh.

An uair a dh'eug an athair, chuir an righ fios orra le cheile, agus an uair a thug e orra deise ard-chomhairlich a chuir umpa le cheile, thuirt e riutha, "tha mise cho duilich air son bas bhur n-athar ruibh fhein; agus o 'n a tha fhios agam gu'm bheil sibh a' fuireach comhladh, agus a' gradhachadh a cheile tha mi 'toirt an urram so dhuibh mar aon. Falbhaibh, agus dluth-leanaibh ri cleachdadh bhur n-athar."

Thug an dithis ard-chomhairleach oga so moran taing do'n righ, agus chaidh iad dhachaidh a chum gach ulluchadh feumail a dheanamh gus an athair adhlacadh.

An deigh bas an athar bha iad mios gun dol am mach as an taigh, 'na dheigh sin bha iad a' dol gu riaghailteach do chuir an righ an uair a bhiodh feum orra.

An uair a bhiodh an righ a' dol a shealgaireachd bhiodh fear ma seach dhiubh a'dol comhladh ris.

Air feasgar araidh an deigh dhaibh an suipeir a ghabhail, bha iad greis mhath a' comhradh ri 'cheile. Thuir am fear bu shinne ri 'bhrathair, "O nach 'eil a h-aon dhinn posda fhathast, agus o'n a tha caoimneas is comunn is gaol cho mor eadrainn, tha smaointean air bualadh 's a' cheann agam; posadhmaid le cheile 's an aon latha, agus taghamaid dithis pheathraichean a teaghlach araidh a bhios freagarrach air ar son,—ciod e do bharail air a' chuis?"

"Feumaidh mi 'radh, a bhrathair," arsa Nuredin, "gu'm freagradh sin oirnn gle mhath; agus air mo shon fhein dheth, tha mi deonach ni sam bith a dheanamh a chi thu fhein iomchuidh."

"Dean air do shocair, tha tuilleadh agam ri radh," arsa Shemsedin; "abair gu'n d' rugadh clann dhuinn 's an aon latha—mac agadsa, agus nighean agamsa, phosadhmaid ri cheile iad an uair a thigeadh iad gu aois."

"Tha mi 'g aideachadh," arsa Nuredin, "gu'm freagradh sin gle mhath; thairngeadh a leithid de phosadh mise 's tusa na bu dluithe ri 'cheile na bha sinn riamh, agus tha mi cur mo lan aonta ris."

"Ach, a bhrathair," ars' esan, 's e leantuinn air bruidhinn," "na'n tachradh am posadh, am biodh duil agad ri airgiod fhaighinn uamsa mar chuibhrionn posaidh do d' nighinn?"

"Cha 'n 'eil teagamh nach bitheadh," ars' am fear eile; "oir tha mi cinnteach nach e mhain gu'n tugadh tu dhi gach ni a bhiodh freagarrach mar chuibhrionn posaidh, ach mar an ceudna gu'n tugadh tu seachad, ann an ainm do mhic, air a chuid a's lugha tri mile bonn oir, tri aiteachan-comhnuidh, agus tri searbhantan."

"Cha'n aontaich mi sin a dheanamh idir," ars' am fear a b' oige; "is braithrean sinn, agus tha mise cho ard ann an suidheachadh riut fhein. Nach 'eil fhios againn le cheile ciod is coir dhuinn a dheanamh? O 'n is e mac a's mo urram na nighean, is e do dhleasdanas—sa tochradh math a thoirt seachad leis an nighinn. Ach tha mi faicinn nach 'eil annad ach duine leis am bu mhiann do ghnothach a dheanamh air chosg duine eile."

Ged a labhair Nuredin na briathran mar mhagadh, shaoil le 'bhrathair gur am da rireadh a bha e; agus air dha bhith car cas 'na nadar, ghabh e gu h olc iad.

“Dunaigh air do mhac,” ars’ esan, “o’n is e ’s docha leat na mo nighean-sa! Tha iognadh orm gu’n robh dhanadas agad na chreideadh gu’m bheil do mhac airidh air mo nighinn-sa. Feumaidh gu’m gu’m bheil thu air a dhol as do chiall ma tha thu ’smaointean gu’m bheil thu co-ionnan riumsa. Biodh fhios agad, ’amadain, o’n a tha thu cho mimhodhail ’s a tha thu, nach tugainnsa mo nighean do d’ mhac ged a bheireadh tu dha do chuid de’n t-saoghal.”

Chaidh na fir cho fada thar a cheile mu thimchioll na cloinne nach d’ rugadh ’s nach mor nach do bhuail iad a cheile.

“Mur b’e gu’m feum mise falbh am maireach a shealg comhladh ris an rìgh, bheirinn dhut do thoillteanas,” arsa Shemsedin, “ach an uair a thilleas mi, leigidh mi fhaicinn dhut nach freagair do’n bhrathair a’s oige a bhith bruidhinn cho ladarna ris a’ bhrathair a’s sinne mar a tha thusa ’deanamh.” An uair a thuirt e so chaidh e d’a sheomar fhein, agus chaidh a bhrathair a chadal.

Dh’ eirich Shemsedin gu math moch ’s a’ mhadainn, agus chaidh e do ’n luchairt far an robh an rìgh a’ deanamh deiseil gu falbh a shealgaireachd.

Chuir Nuredin seachad an oidhche gle neo-fhoiseil; agus air dha bhith smaoineachadh air na thainig eadar e fhein ’s a bhrathair, thuig e nach robh e ’n comas dha fuireach comhladh ri’ bhrathair na b’fhaide. Gu math trath air an latha cheannaich e miulaid, agus an deis dha airgid is seudan is biadh, agus gach ni eile a bhiodh feumail dha air son a thuruis fhaighinn deiseil, dh’ fhalbh e. Ach mu’n d’fhalbh e, thuirt e ris an luchd-muinntir, nach robh duil aige bhith o’n taigh ach beagan laithean.

An uair a dh’ fhalbh e a Cairo, mharcaich e dìreach rathad fasach Arabia; ach an uair a thug a’ mhiulaid thairis leis an sgios, cha robh aige ach a chas a ghabhail.

An uair a bha e ’fas gu math sgith, thainig fear-turuis a bha ’dol gu ruige Balsora ’na rathad, agus thog e air a chulaobh e. An uair a rainig iad Balsora, thainig Nuredin air lar, agus thug e moran taing do ’n fhear-thuruis.

An uair a bha e ’g amharc air son aite-fuirich, chunnaic e duine urramach a’ tighinn an rathaid a bha e, agus coisridh mhor comhladh ris. Bha ’n sluagh gu leir a’ toirt urram do’n duine so, agus bha iad a’ seasamh far an robh iad fad ’s a bha e gabhail seachad orra. Sheas Nuredin mar a rinn cach. B’ e ’n duine so an t-ard-chomhairleach aig rìgh Bhalsora, agus bha e ’dol troimh ’n bhaile feuch am faiceadh e an robh muinntir a’ bhaile ’g an gluasad fhein gu h-ìomchuidh.

Thachair do ’n duine so amharc an taobh a bha Nuredin, agus an uair a thug e an aire gu’n robh ni eigin neo-chumanta tlachdmhor ’na chruth ’s na choslas, bheachdaich e gu dluth air. An uair a thainig e dluth dha ’s a thug e an aire gu’n robh e ann an eideadh fir-siubhail, sheas e laimh ris, agus dh’fheoraich e dheth co e, agus co

as a thainig e.

“Le’r cead,” arsa Nuredin, “is Eiphiteach mi a rugadh ann am baile Chairò. Dh’ fhalbh mi as do bhrìgh gu’n robh dluth-charaid dhomh neo-chaoimhneil rium. Agus chuir mi romham gu’n siubhlainn an saoghal, agus eadhoin gu’m fuiliginn am bas a roghainn air tilleadh dhachaidh.”

An uair a chual’ an t-ard-chomhairleach na briathran so, thuirt e, “A mhic, thoir an aire dhut fhein, na lean an cursa a chuir thu romhad; cha’n ’eil anns an t-saoghal ach trioblaid is truaighe. Cha’n ’eil thu tuigsinn ciod e an cruaidh-fhortan a dh’fheumas tu ’fhulang. Thig comhladh riumsa; is docha gu n toir mi ort na nithean a chuir as do dhuthaich fhein thu a dhichuimhneachadh.”

Lean Nuredin an t-ard-chomhairleach d’ a thaigh fhein, agus ann an uine ghoirid dh’ fhas iad gu math eolach air a cheile. Mar a b’ eolaiche a bha ’n t-ard-chomhairleach a’ fas air Nuredin, is ann bu mheasaile a’ bha e ’fas air. Mu dheireadh bha leithid thlachd aige dha ’s gu’n dubhairt e ris air latha araidh, “A mhic, tha mi, mar a tha thu ’faicinn, air fas cho aosda ’s nach ’eil e coltach gu’m bi mi beo moran na ’s fhaide. Tha aon nighean agam a tha nis aig aois posaidh, agus tha i ’na boirionnach a tha ’cheart cho briagha riut fhein. Bha caochladh dhaoine cho urramach ’s a th’ anns an rioghachd ’g a h-iarraidh orm gus a posadh ri ’n cuid mhac, ach cha robh toil agam a toirt seachad. Tha tlachd agam dhiotsa, agus tha mi ’smaointean gu’m bheil thu cho airidh air mo nighean fhaotainn ’s gur fhearr leam a toirt dhut na do aon sam bith a bha ’g a h-iarraidh; agus mar sin tha mi deonach thu ’g a posadh. Ma tha thusa deonach, innsidh mi do ’n rìgh mu ’n chuis, agus guidhidh mi air gu’n dean e thusa na d’ ard-chomhairleach an deigh mo bhais. Aig a’ cheart am, o’n a tha mise feumach air beagan fois ’nam shean aois, cha’n e mhain gu’n toir mi dhut mo chuid dhe’n t-saoghal, ach fagaidh mi tomhas mor de riaghladh na rioghachd ’na do lamhan.”

(Ri leantuinn.)

Cha’n urrainn dhut paipear Gàilig fhaighinn an àite sam bith ach MAC-TALLA, ’s bu chòir dhut a bhì gle mheasail air.

[TD 380]

[Vol. 6. No. 48. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia mìosan,50

Tri mìosan,25

Tha ’phris ri bhì air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus, nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 27 MAIGH, 1898.

(Air a leantuinn o thaobh 377.)

a neart 's a bheatha le teachd no le blaths cairdeil caraid no samhraidh. Caidlidh e gu ciùin ann an suain a bhàis-suain nach aithnich brudar no faireachadh. Ni cluairan an raoin uchd na h-uaighe sgiamhach agus ùr, agus seididh fafan maoth an anmoich gu malda 'us gu cairdeil thairis oirre re iomadh la 'us oidhche, ach cha 'n fhairich fear-comhnaidh an tighe gheamhraidh anail chùbhraidh nan cluaran 'us nan osag. Ach bithidh, fa-dheoidh, dusgadh mor agus iomraiteach ann, anns an liobhair gach uaigh na fhuair i fein. Is ann suilbhir agus aoibhneach a bhitheas faireachduinn an duine sin aig an robh a cheann geal le sneachd nam bliadhnachan a bha air an caitheamh ann an eagal agus ann an seirbhis an Tighearna. Bithidh samhradh acasan a bha umhal, measarra, stolda, diadhaidh, agus a chaidh 'ghearradh sios ann am moch-thrath an laithean. Gheibh iad failte 'us furan rioghail, caidreamhach bho 'n Ard-bhreitheamh fein-iadsan a bha mearganta ann an stri Chriosduidh, agus a bha daonnan eudmhor air sgath na firinn 'us na corach.

Rinn Dia a samhradh agus rinn E 'n geamhradh. Thig e dhuinn a bhi taingeil ann am meadhon gach sonais agus soirbheachaidh a bheir Dia dhuinn. Thig e dhuinn a bhi daonnan iriosal agus dileas dasan, ar n-Athair neamhaidh. Thig e dhuinn a bhi gun mhonmhur, gun luasgadh anma, ged a dh' fhaodas geamhradh na deuchainn agus aileadh searbh na h-euslainte a bhi cruaidh oirnn agus neo-chaoimhneil ruinn. Nach e Dia 'rinn an samhradh agus an geamhradh. Gabhamaid misneach bho 'n fhaidh Habacuc, an uair a tha e 'g radh: "Ged nach toir an crann-fige uaith blath agus ged nach fas air an fhionain ciuneas, ged fhailnich meas a chroinne olaidh, agus ged nach toir na machraichean uatha lon, ged ghearrar an treud as o'n mhainnir, agus ged nach bi buar air bith anns na buailtibh; gidheadh, ni mise gairdeachas anns an Tighearna, ni mi aoibhneas ann an Dia mo shlainte." Amen.

RENA.

NAIDHEACHDAN.

Tha fear Seumas Hamil, ann am <eng>Point du Chone, N. B.,<gai> air a chur an greim air amhrus gu 'n do mharbh e a bhràthair fhéin toiseach a' gheamhraidh s'a chaidh.

Bha Tom Nulty, an duin' òg a mhort a bhràthair 'sa thriùir pheathraichean toiseach a' gheamhraidh, air a chrochadh a sheachdain gus an diugh. Bhuineadh e do chearn iomallach de Chuibeic.

Tha 'n sgeul mu dheireadh a thainig ag ràdh gu bheil luingeas chogaidh na Spàinne ann an acarsaid Santiago, agus luingeas chogaidh nan Geancach 'ga feitheamh aig beul na h-acarsaid. Ma tha sin ceart cha'n fhada gus am bi blàr ann.

Tha trioblaid eadar Breatunn agus an Fhraing ann an taobh an ear <eng>Africa<gai>, far an robh an Fhraing a' gabhail seilbh air fearann air an robh coir aig Breatunn. Tha 'san ainm gu bheil Breatunn an deigh rabhadh a thoirt dhi i bhi cuibhteas an fhearainn sin an taobh a stigh de mhios.

Tha pàrlamaid Cholumbia Bhreatunnach a' cur mu dheibhinn rathad-iaruinn a thogail dh' ionnsuidh an <eng>Yukon<gai>, dùthaich an òir. Bidh e deich ceud gu leth (1050) mìle a dh' fhad, agus cosgaidh e ceithir muillean 's da cheud gu leth mìle dolair. Bidh an rathad air fearann Chanada, a h-uile troigh dheth.

Bha fathunn a dol mu 'n cuairt deireadh na seachdain s'a chaidh, gu facas naodh soithichean eogaidh Spàinnteach a deas air Nobha Scotia, ach an ceann latha no dha fhuaireadh a mach gur h-e bh' ann soithichean iasgaich Geancach. Tha moran de na naigheachdan a tha tighinn mu 'n chogadh gle choltach ri so.

Thatar an deigh roinn mhor de stuth ris an canar <eng>plumbago<gai> fhaotainn faisg air a' Bheighe 'n Iar, agus ma 's fìor na tha iad ag ràdh, cha 'n eil mèinn cho math dhe 'n t-seorsa ann an Canada. B' àbhaist do na tuathanaich a bhi 'ga thionndadh leis na croinn threabhaidh, ach cha robh fhios aca gu 'm b' fhiach e dad, agus cha do chuir iad suim' sam bith ann gus o chionn ghoirid.

Tha aig na paipearan naigheachd, an deigh na bliadhn' ùire s'a tighinn, ri bhi paigheadh postachd; an dràsda agus o chionn àireamh bhliadhnaichean air ais, bhatar 'gan giùlan an nasguidh. Na 'n saolamaid gu 'n toireadh an lagh ùr so air cuid de luchd-gabhail nam paipearan a bhi na b' fhearr gus am pàigheadh, dheanamaid toileachadh ris, ach tha eagal oirnn nach bidh a bhuaidh sin air idir.

Chaochail an t-Onarach Uilleam E. Gladstone a sheachdain gus an dé, mu chóg uairean 'sa mhaduinn. Bha e gu tinn o chionn àireamh sheachdainean, agus bha fhios aig na h-uile nach rachadh e na b' fhearr, ach ged a bha, chuir sgeul a bhàis mulad mor air sluagh na rioghachd air fad. Bha e 87 bliadhna dh' aois. Cha 'n eil teagamh nach b'e duine cho math agus cho mor a rinn a dh' fheum 'sa chaidh àrach ann am Breatunn riamh. Ged a bha moran de luchd na pàrlamaid dhe 'n phàirtidh a bha esan an aghaidh, cha 'n eil duine dhiubh nach

aidich an diugh gu 'm b'e an duine a b' fhearr airidh air cliù a bh' ann am Breatunn air fad. Chuir a' phàrlamaid rompa cho luath 'sa chualas mu bhàs gu 'm biodh e air adhlacadh air chosdas na Stàite ann an <eng>Westminster Abbey,<gai> far am bi a dhealbh-chuimhne air a cur suas, am measg dealbhan-cuimhne nan daoine mora a dh' fhalbh. Bha Mr. Gladstone làn airidh air an urram sin, agus tha an riaghladh 's an sluagh gle thoilichte an t-urram sin a nochdadh dha. Tha sinn an dùil cunntas aithghearr air eachdraidh beatha an duine ainmeil agus chliutich so a thoirt d' ar leughadairean an ùine ghoirid.

Cha 'n eil an cogadh ach a dol air adhart gu slaodach; tha gu leòr ri radh air gach taobh, ach gle bheag 'ga dheanamh. Deireadh na seachdain s'a chaidh cha robh fhios c'àite 'n robh luingeas-chogaidh na Spàinne, ach air an t-seachdain so cha 'n eil sgeul air luingeas-chogaidh nan Stàitean na 's mo. Tha 'n da chabhlach air a dhol air chall. Cha 'n eil cead aig na paipearan anns na Stàitean a nise uiread naigheachdan innse mu 'n chogadh, ach tha e cinnteach na 'n robh blàr air a chur o chionn ghoirid gu 'm faighte fios air. Tha iomadh naigheachd a tighinn do nach leigear a leas creideas sam bith a thoirt. Tha na Stàitean an deigh tuilleadh airm a chur do na h-Eileanan Philipeach; tha e 'na cheist a nise ciod a ni na Stàitean ris na h-eileanan sin. Bha fios a thainig Di-luain ag radh gu robh an Spàinn a' feuchainn ri 'n creic ris an Fhraing, co-dhiu tha sin ceart no nach eil.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic

gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

[TD 381]

[Vol. 6. No. 48. p. 5]

LEABHAR NAN CNOC.

Is ann an 1834 a chaidh an leabhar ainmeil, gasda so 'chlo-bhualadh. Is iomadh Gaidheal maith agus dileas a bheannaich an t-Ollamh Tormoid Mac Leoid, a chuir Leabhar nan Cnoc ri cheile. Is e 'n t-ainm maiseach a tha 'n leabhar so 'giulan: Leabhar nan Cnoc, sean agus nuadh, airson oilean agus leas nan Gaidheal, le Tormoid Mac Leoid, D. D.

“'S i labhair Padruig 'n Innse-Fail nan righ,
'S am faidh caomh sin, Calum naomh an I.”

Tha Gaidheil an latha 'n diugh anns gach aite, gle thoileach an t-ainm urramach, “Caraid nan Gaidheal,” a bhuileachadh air a mhinisteir uasal, bhath-chridheach, a chuir Leabhar nan Cnoc agus leabhraichean Gaidhealach an ordugh air an dean mi luadh fathast. Bha 'chridhe lan de thlus 'us de ghradh airson nan Gaidheal, agus gach ni, 's abhaist, 'us eilean, 'us cnoc, 'us caol, 'us cuan a bhuineas do na Ghaidhealtachd gu leir. Is anns a Mhorairn a rugadh e, ann am Fionnairidh faisg air Loch Aluinn, agus fa chomhair an eilein Mhuilich. Is ann mar so an teas meadhoin na Gaidhealtachd a chaith an Gaidheal eireachdail so tus a laithean agus a fhuaire e eolas air a chainnt shnasmhor, chiatach agus air na beachdan ceanalta, laghach, a nochd e 's a chuir e gu feum gasda anns gach leabhar a sgrìobh e 's anns gach searmon ùr-labhrach, dhruighteach a shearmonaich e ann an iomadh sgìreachd. Is e dream measail, grinne, foghainteach a bha anns na Leodaich bho 'n tainig Tormoid. Aidichidh gach duine aig am bheil eolas ceart air Gaidhlig, gur e 'Ghaidhlig aige-san a's fearr, a's milse, 's a's snasmhoire 'tha againn; agus nach do sgrìobh sgoilear air bith eile Gaidhlig co fonnmhor, glas, blasda 's cudthromach ri cainnt urramach Thormoid. Bha buaidhean inntinn treun 'us geur aige. Bha cridhe blath, caoimheil, farsuing aige. B'e run anma daonnan a maith a dheanamh do na Gaidheil, agus iad fein agus an cainnt a dhion, a chuideachadh, agus a thogail suas. Labhradh e cainnt nam beann le blasdachd comharraichte, 's le fonn milis, ceolmhor, taitneach. Bha e 'n a mhinisteir re iomadh bliadhna ann an Ceann-Locha Chille-Ciaran, ann an Earraghaidheil, far an robh coimhthional mor aige, 'us far an do choisinn e cliu 's urram fìor 'us farsuing. Is e duine foghainteach, sgiamhach agus deas a bha ann. Bha caraid nach robh ro-bhoidheach 'n a ghnuis, a' searmonachadh air a shon aon uair an Ceann-Locha. Ghlaodh boirionnach a mach: “Thig a nuas agus leig do na mhinisteir bhoidheach againn fein dol suas.” Dh' fhag e Ceann-Locha 's ghabh e air curam sgìreachd Champsie, eadar Glaschu 'us Dun-eidinn, far nach

robh feum air Gaidhlig. Thainig e mu dheireadh do Ghlaschu. Bha e 'n a mhinisteir ann an Eaglais Chaluim Chille anns a bhaile mhor so gus an tainig am bàs air. Is ann am feadh a bha e 'tuineachadh anns a' bhaile ainmeil so far am bheil moran Gaidheal, a dhearbh e gu dileas, firinneach, nach robh caraaid aig na Gaidheil a bu mhodha baigh, 'us eud, 'us tlaths, na e fein. Chaidh e an ear 's an iar ag iarraidh agus a' faotainn cuideachaidh do na Gaidheil, an uair a bha gort anns na h-Eileanan, on bha galar eagalach anns a' bhuntata. Dh' éisd daoine cneasda, faoilidh ris gach tagradh a rinn e as leth nan Gaidheal ann an latha cruaidh an airc. Le comhnadh an Ollaimh Baird, agus daoine tuigseach, caoimhneil eile, chuir e sgoilean air chois anns a' Ghaidhealtachd far an robh feum mor orra, agus far an d' fhuair iomadh balach bochd ionnsachadh trid an d' eirich e gu h-inbhe ard, uasal, ann an iomadh cearna de 'n t-saoghal. Thug e comhnadh do mhile Gaidheal ann an Glaschu, 's chuidich e gu toileach le àireamh lionmhor de 'luchd-dùthcha obair agus cosnadh maith 'fhaotainn. Da rìreadh, bha meas blath, seasmhach, anabarrach aig na Gaidheil thall 's a bhos, agus anns gach aite air Tormoid Mac Leoid, agus 'n am beachdsan cha robh Gaidheal eile idir ann, a bha airidh air a bhi air a chur ann an coimeas ris; ann an ailleachd cruth 'us dealbh; ann an caoimhneas cridhe 's ann am maisealachd anma; ann an gliocas feumail 'us ann an dealas iomchuidh. Is ann airson comas a thabhairt do na Gaidheal an canain fein a leughadh agus a labhairt gu pongail, ceart a chuir e ri cheile Leabhar nan Cnoc. Sgrìobh e fein cuibhrionn mhaith de 'n leabhar so, 's fhuair e cuideachadh bho sgoilearan ealanta Gaidhealach eile. Is ann fo thearmuinn Comuinn Oiseinich Ghlaschu, a chuir e 'mach Leabhar nan Cnoc. Is gasda 'bhriathran am feadh a tha e 'g radh, "Cha 'n fhiosrach leam gu tug ni air bith barrachd solais domh na ceud shuidheachadh a' Chomuinn Oiseinich. Comunn do Ghaidheil òga theas-chridheach air an tarruing r'a cheile le gaol d' an dùthaich, agus a tha 'g iarraidh cainnt bhuanmhor, mhilis nam beann a labhairt agus a sgrìobhadh gu teoma, neo-cheurbach." Tha e soilleir gu robh eadhon anns na laithean ud, daoine ann a bha 'creidsinn gu robh a' Ghaidhlig breoite 's a faghail a' bhais, 'us nach bitheadh i fada air a labhairt ann an tir nam beò. A chum gaisge 's dochas dìongmhalta 'thabhairt do na h-oileanaich, sgrìobh e air an doigh so: "Na creidibh iadsan a tha 'g radh gu bheil a' Ghaidhlig air leabaidh a bàis. Tha i co slàn, laidir, ùrail, agus a cuisle co fallain 's a bha i riamh; agus ged thachradh e gum biodh i air a fogradh á h-Albainn am maireach, tha farsuingeachd agus fasnadh a' feitheamh oirre taobh thall de 'n chuan mhor, far am bheil cheana na miltean d'a muirichinn fein a dh' fhailtichheadh agus a dh' altrumaicheadh i le solas." Bha 'n t-Ollamh Mac Leoid 'n a dheadh fhaidh, oir c'aite am bheil Gaidheil a's foghaintiche agus am bheil meas a's modha air an canain fein na Gaidheil Nobha Scotia 's Eilein a' Phrionnsa; 's nach e MAC-TALLA-an laoch muirneach, mearganta, a tha 'n a aonar a' sgrìobhadh agus a' clo-bhualadh paipeir Gaidhealach bho sheachduinn gu seachduinn, air feadh an t-saoghail gu h-iomlan.

CONA.

<eng>THE WANZER LAMP.<gai>

[Dealbh]

Cumaidh i solus riut.
Goilidh i 'n coire dhut.
Bruichidh i 'm biadh dhut.
Tairnnidh i 'n ti dhut.

Cha chosg i uiread olla ri lamp' eile, agus ni i solus moran na 's
fhearr. Gheibh thu ri ceannach i aig
CAIPT. RUAIRIDH MAC NEILL,
Sidni, C. B.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co., <gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON, <gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S. <gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an
deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth
air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann
am baile Halifax tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co. <gai>

[TD 382]

[Vol. 6. No. 48. p. 6]

A MEASG TUATH NA GAIDHEALTACHD. *

LE UILLEAM MAC COINNICH, RUN-CHLEIREACH CUIRT-AN-FHEARAINN.

EARRANN III.

Tha e na dhoigh aig Gàidheil deth gach creideadh, spéis is urram a
thoirt do na h-uile Pears-eaglais, ach an dràsda 'sa' rithisd
tachraidh rud mu dheidhinn mhinistear a bheir gàire air gach neach.
Bho cheann beagan bhliadhnachan bha ministear a' gabhail ceum ann an
eilean 'san airde-'n-iar. Choinnich e gille beag casruisgte a

b'aithne dha, 's e ag éisdeachd ri ceard a' cluith air a' phiob-mhòir. "A Dhonnchaidh" ars esan, "am bu toigh leat a bhi 'na do mhinistear?" "Bu dòcha leam a bhi 'na mo cheard," arsa Donnchadh.

Chaidh ministear àraidh a choimhead air boirionnach euslainteach, agus mu'n d'fhàg e an tigh rinn e ùrnuigh. Bha cearc air nead ann an cùil as teach, agus an uair a bha am Pears-eaglais ris an urnuigh, rug a' chearc an t-ubh is dh'éirich i le gog-gog-gogaidh. Stad a' ministear; 's dh' éirich fear an-tighe; rug e air a' chirc 's chuir e a ceann fo 'achlais, is thubhairt e—"Faodaidh sibh a dhol air aghart a nise; fhuair mise greim air nighean an diabhuil."

Bha ministear ann an sgìre àraid a bha 'na dhuine fìor-mhor, foghainnteach. Bha mac aige a dh'ionnsaich a' mhinistearalachd; agus chord e ri ministear eile 's an dùthaich gu'n searmonaicheadh e air a shon air Dòmhnach àraid. An t-seachduinn roimh an Dòmhnach sin labhair a' ministear suidhichte ris a' choimh-thional mar so—"Mo chàirdean, tha mise dol bho 'n tigh, ach thigibhse so air Di-dòmhnach mar is abhaisd duibh Bithidh Mac-an-fhir-mhòir fhein 'na m àite!"

Is aithne dhomh ministear a bha a' coimhead air seann-chaillich a bha chòmhnuidh an àite iomallach de 'n sgìre aige. Bha comradh aca mu'n aimsir, prìsean air crodh is air meanbh-chrodh, is gnothaichean de'n t-seòrsa sin. Mu dheireadh thuirt a' ministear. "Tha an oidhche 'tighinn, is feumaidh mise 'bhi 'siubhal, ach ma's falbh mi, bu mhath leam facal ùrnuigh a dheanamh." "O le 'r cead," ars a' chailleach, "b'fheàrr leam fhéin smoc."

Bha uair-eigin cìobair ann an glean uaigneach a fhuair droch chliu. Mu dheireadh thainig 'n a cheann pòsadh, is chaidh e gu ministear air son an t-snaim a cheangal. "Tha mi toilichte 'fhaicinn," ars a' ministear, "gu'm b'eil thu 'dol a sgur dhe do dhroch-bheusan 's a' dol a phòsadh; ach a thruaghain, is iomadh peacadh a rinn thu, is mar fhaigh thu maitheanas cìod e dh'éireas dut latha 'Bhreathanais?" "Latha 'Bhreathanais! An e sin a tha sibh a' cantuinn?" ars an cìobair. "'Se is dòcha gu'm bi sinne ann an 'Stralia roimhe sin.

* Bha am paipeir so air a leughadh air beulaobh Comunn Gàilig Ghlaschu, air an 29mh latha dhe 'n Mhàrt, 1898.

Bha duine uaireigin do 'm b' ainm Iain Mòr na Claise-carnaich a' fuireach am monadh ann an Siorramachd Rois. Cha rachadh Pears-eaglais na bu trice na aon uair 'sa' bhliadhna 'na rathad. Bliadhna dhe na bhliadhnachan bha am ministear a' toirt teagaisg do dh' Iain 's do mhuintir mu'n Uan Chaisg. 'Nuair a thill e air ais 'n ath-bhliadhna dh'fhoighnich e ri Iain an robh cuimhne aige air a bhonn-theagaisg a bh' aca an uiridh. "Tha gu math," ars Iain; bha sibh a' bruithinn air an òisg chaisg." "Ud, ud, Iain," ars a ministear, "an t-Uan Caisg, "An t-uan an uiridh 'n oisg am bliadhna," ars Iain.

Fhad sa tha mi 'bruithinn air gnothaichean mar so faodaidh mi

iomradh a thoirt air albachadh is ùrnuigh no dha. So altachadh a bh' aig seann Leodhasach an uair a bhuineadh an t-Eilean Leòdhasach do Chlann Choinnich—

“O Thighearna 'eudail,
Cur Mac Coinnich air tìr
'S làn phris air a' mhart,
Bliochd is fair air an nì
'S meadar blàthaich anns gach àit' an tachair sinn,
O Thì a chuir an t-séap so oirnn'
Cuir séap eile oirnn'
'S bho shéap gu séap
Gus an cur thu 'n t-séap dheirionnach oirnn'
'S biodh e mar sin gu deireadh an t-saoghail
'S gu siorruidh suthainn.
Amen.”

Mu chiad bliadhna roimhe so bha seann duine 'fuireach faisg air Bàgh-a'-chaisteil am Barraidh. Biodh e 'deanamh ùrnuigh moch-thra is anmoch, is bha earann di mar so:—“Mas fheudar gu'n téid loingear a dhìth, O Thighearna, stiùir Thusa am fiodh 's an cainb gu tràigh Bhuirbh is Caolas Bhatarsaidh.”

Bha ministear ann an Eilean Shannda, an Arcamh, aig an robh ùrnuigh air an aon seòl—<eng>“If it please Thee, O Lord, to cause helpless ships to be cast on the shore, O Lord, in Thy mercy dinna forget the poor Island of Sanday.<gai>

Bha Sgiathanach uaireigin air thurus, is chaidh e as teach do thigh a ghabhail fasgaidh. Dh'fhuirich e 's an tigh gu tràth-diot. Bha fear-an-tighe 'na dhuine gruamach, mi-shuilbheara, mosach. Coma co-dhiu, shuidh an aoidh as teach ris a' bhòrd. Chuir fear-an-tighe dheth a bhoineid is thuirt e an t-altachadh mar so:—“Gu'm beannaicheadh Dia mi-fhein is mo bhean is Iain mo mhac, 's gun duine ach sin.” An deidh dhoibh an dinnear itheadh thuirt an Sgiathanach “Gabhaidh mi-fhéin an t-altachadh a nis.” “Air aghairt mu ta,” ars a' fear-an-tighe.” “Gu'n gabh am fear mosach thu-fhein 's do bhean is Iain do mhac, 's gun duine ach sin,” ars an Sgiathanach, 's ghabh e mach air an dorus mhor 's dh'fhalbh e.

Mar tha fhios agaibh, is e mo ghnòthuichsa bhi 'dol feadh na Guidhealtachd is nan Eilean cuide ri Cùirt an Fhearainn. Their muinntir gu tric rium—“is iomadh rud a chuala sibh a measg na tuath a bu toigh le Gaidheil eile 'chluinntinn.” Gun teagamh chunnaic is chuala mi iomadh rud anns an dusan bliadhna 'th'air dol seachad a b' fhiach a sgrìobhadh ach cha b' e obair aon oidhche no aon seachduinn a bhiodh an sin. Chunnaic mi daoine foghainnteach ag iarraidh ceartais 's a' cur an céill am beachdan ann am briathran cho snasail is cho dòigheil 's a chluinneadh sibh an cearnaidh sam bith de'n rioghachd; chunnaic mi creutairean bochda ag innseadh ann an briathrabh tiamhaidh mu na dh' fhuiling iad, agus a' leigeil fhaicinn do gach neach gu'n robh an cor truagh; is a chorr air a sin chuala mi fir a bha coma-co-dhiù, no a bha neònach na'n dòighean, a' toirt freagairtean a bheireadh gàire air neach sam bith. Thuirt mi

ruibh 's an tòiseachadh nach robh mi 'dol a thoirt òraid chudthromach dhuibh a nochd; is tuigidh sibh uile nach biodh e freagarach dhomh a dhol a bhruithinn air lagh an fhearainn, no trioblaid sam bith a dh' éirich eadar tuath is tighearna, ach faodaidh mi dha no tri dhe na freagairtean neònach a dh'ainmich mi innseadh dhuibh.

Bha duine bochd a' deanamh a ghearan ris a' chùirt, is dh'fhoighnich am fear-lagha dheth an robh teaghlach aige. Fhreagair Domhnull—"Tha dà theaghlach agamsa." "'S am beil do bhean beò?" ars am fear-lagha. "Cha'n 'eil a chiad té," arsa Dòmhnall.

Aig am eile chaidh fhoighneachd ri fear ciod e 'n teaghlach a bh' aige. Fhreagair e—"Tha deichnear mu'n teine, 's fear eile 's a' sgoil!"

Bho cheann beagan bhliadhnachan shuidh a' Chùirt ann an àite far an robh an tuath a' gearan nach robh iad a' faighinn cuideachadh no cobhair san sam bith bho luchd-riaghlaidh na h-oighreachd. Thog aon fear tigh ùr, thog fear eile sabhal no bàitheach, is rinn fear eile gàradh-crìch no dìge, ach cha d'fhuair duine dhiubh cuideachadh bho'n uachdaran. Mu dheireadh an latha, thainig seann duine air bialaobh na Cùirte, is chaidh fhoighneachd ris ciod e an teaghlach a bh' aige. Fhreagair am bodach air a shocair fhein—"Tha ceithir-duine diag; agus cha d' fhuair mi cobhair bho 'n uachdaran!"

Cha'n 'eil duine sam bith a bhios air siubhal nach fhaic rud an dràsda 's a rithisd a bheir gaire air, agus aig amannan faodaidh e rud fhaicinn a chuireas gràin air. Bha fear air chuairt an aite iomallach agus rainig e tigh anns am bu ghnàth le luchd-siubhal cuid na h-oidhche fhaighinn. Aig a' bhiadh-maidne ghearain e ris a' bhean-mhuinntir nach robh a' mhuic-fheòil math. Fhreagair Mairi air a socair fhein—"Se muc a bh'aig bean-an-tighe a bh'ann, is bhàsaich i oirre, is bha i ga cumail air son nan 'Tréibhilearan!"

Chaidh mòran do bhàrdachd is do sheann sgeulachdan na Gaidhealtachd a thional, ach tha mòran ri thional fhathasd, agus bu choir dhuinn uile ar dichìoll a dheanamh air an sgrìobhadh. Tha an t-seana mhuinntir aig am beil iad a' fas na 's gainne is na's gainne,

[TD 383]

[Vol. 6. No. 48. p. 7]

agus cha'n 'eil an òigridh ag ionnsachadh nan gnothuichean ud mar bha an athraichean.

Cluinnear mòran phort nach deachaidh riabh air paipeir, ach tha am port-a-bial a' dol a fasan, is cha'n 'eil na's fhearr a' tighinn 'na àite. Tha na seana chleachdaidhean a' dol air dhi-chuimhne is tha e iomchaidh gu'n reachadh a h-uile dad a tha ri fhaighinn mu'n deidhinn a sgrìobhadh 'sa chumail air chuimhne.

B'abhaist iomradh a bhi air feadh na duthcha air a' Chliar-Sheanchainn, ach is e glé bheag a chaidh a sgrìobhadh mu dhol-a-mach na buidhne sin. Bu mhiann leam fhein coinneachadh ri neach sam bith a bheireadh dhomh cunntas math air an cleachdaidhean is cuid de'n seanchus. Ach cha be a' Chliar-Sheanchainn a mhain a bha math air geur-chainnt. Tha iomradh againn air bàird a' coinneachadh a chéile, 's an dara fear a' fiachainn ri buaidh fhaighinn air an fhear eile le geur-sheanchus. Chuala sibh uile an rud a thuirt Mac-Ille-Mhaoil an drobhair Abrach 'n uair bha e 'fàgail Uibhist-

Tha mise 'n so na m' fhleasgach,
'S m' aodann air preasadh le aois;
Cha phòs mi gruagach a Uibhist-
Cha toir mo chridhe dhi gaol.

Fhreagair Uibhisteach e-

Carson nach tilleamaid an t-òran,
Air a' ghnòig, Mac-'Ille-Mhaoil;
Ma tha e 'm bliadhna 'na dhròbhair
Tha e eòlach anns gach taobh.

A mhic a' bhodachan chabuich,
Bho Bhun-Lochabar nan craobh,
Cleas a' chait a dh'òl an t-uachdar
Bheirinn dhiot a chluais fo 'n mhaoil.

Tha maighdionnan shuas mu'n Linne,
Do'n toir a h-uile fear gaol-
Muineal is gile na 'n mhala canach,
Iosgaidean fada na faoileig.

Am bard mosach Mac-Ille-Mhaoil,
Cluasan madaidh, claigionn laoigh,
Iosgaidean fada na faoileig
Agus casan caola 'n fhéidh.

Air an aon dòigh bha a' chòmhail a bh'aig Bard Mhic-Leoid is am Bard Cononnach. Choinnich iad an Dùthaich Mhic-Leòid, is thòisich iad air òl gus an d'fhas am Bard Cononnach tinn. An sin thuirt Bàrd Mhic-Leòid-

"Tha 'm Bard Cononnach gu tinn
Air a dhruim an tigh an òil,
Ge b' e phàigh air son na deoch
Thug e biadh do choin Mhic-Leòid."

Fhreagair am Bard Cononnach-

"Thug thu alladh air Mac-Leòid,
Is dhòmhsa cha bu chòir a chleith;
Nach fhaigheadh a chuid chon do lòn
Ach na dheanamh luchd-òil a sgeith!"

Dh' fhaodainn leantuinn air gnothuichean mar so gu maduinn, ach tha 'n t-ám agam ged a chur air mo mhàileid a nochd. Air na aobhar sin co-dhunaidh mi le bhi 'guidhe saoghal fada 's deadh bheatha do "Chomunn Gàilig Ghlaschu."

(A' chrìoch.)

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu

Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.

An Stor aig

<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>

SIDNI, C. B.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaic air laimh. Ma tha thu air son Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig

Niall Mac Fhearghais,

an Taillear,

agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.

Cordaidh 'Obair Riut.

Gabh Deagh Chomhairle

agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho

<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn, agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle thoileach a shealltuinn.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,

DOTAIR FHIACAL,

OIFIG-0s cionn Stor Harrington,

SIDNI, C. B.

Joseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 384]

[Vol. 6. No. 48. p. 8]

An teid thu leam a Ribhinn Mhaisich.

Eilean Leòdhais, tir nan gaisgeach,

Tir nan lasgairean 's nan sàr,
C'àite 'm facas riamh na 'n cualas,
Laoich air chuan thug orra bàrr?

SEISD.

An teid thu leam a ribhinn mhaisich?
An teid thu leam a ribhinn òig?
An teid thu leam a ribhinn uasail
'Null air chuan do dh' Eilean Leòdhais?

Chi thu 'n t-aite 'san deach m' àrach,
'N uair a bha mi 'm leanabh òg;
Canaidh tu gur baile briagha
Lional, ann an Eilean Leòdhais.

Chi thu m' athair 'us mo mhàthair,
Mo bhràithrean 's mo phiuthar òg,
Gheibh thu iadsan tha dhomh càirdeil,
Cridheil, bàigheil mar bu chòir.

Chi thu laoich is bòidhche snuadh ann
Bheireadh buaidh am blàir na h-Eòrp',
Chi thu maighdeanan gun ghruaim ann,
Gabhail dhuan ri luadh a' chlò.

Chi thu mointeach cnuic 'us ghleann
Le-feadain chàm na 'n deann gun òs,
Chi thu smeòrach bàrr nan geug,
Air maduinn chéit, an Eilean Leòdhais.

Chi thu Mùirneag 's beanntan Bharbhais
Beanntan ainmeil, garbha, mór,
Agus airidhean nan guallainn
'S gruagaichean ri eualach bhò.

Chi thu lochan agus fuarain
'S fhàilte fhuaireadh bho na neòil,
Agus fraoch a fàs mu 'n cuairt dhiubh
Sealladh buan an Eilean Leòdhais.

Chi thu muran agus luachair
Air gach buaile 's anns gach lòn,
Morran agus canach samhraidh
Nach 'eil gann an Eilean Leòdhais.

Chi thu muir gun sgios ri bualadh
Creagan gruamach, uamhrach, àrd,
'S cha 'n fhaca tu riamh ni 's bòidhche,
Na na h-eòin a th' annta 'tàmh.

Chi thu tighean air an t-sliabh ann
Nach fhaca tu riamh an seòrs',
Crodh 'us caoraich air gach taobh dhiubh
Measg an fhraoich an Eilean Leòdhais.

Chi thu ann gach ni mar shaoil leam
'S le mo dhùrachd sud mar bha,
O! ma theid thu leam a chaoidh ann
Gheibh thu caoimhneas agus blàs!

Fhreagair i gu sìobhalt, ciùin mi,—
"Theid mi ruin leat 'dh' Eilean Leòdhais,
Ma tha gach ni mar rinn thu innseadh,
Fanaidh mi gu crìch mo lò."

Cruachan a' Cheathaich.

Mi am shuidhe 'n so m' ònar,
Air còmhnard an rathaid,
Dh' fheuch am faic mi fear fuadain
Tigh'nn o Chruachan a' cheathaich.

Bheir dhomh sgeul air Clann-Ghriogair,
No fios c'ion a ghabh iad,
'S iad bu chuideachda dhòmhsa
Di-dòmhaich so chaidh.

Cha d' fhuair mi d' an sgeula
Ach iad bhì 'n dé air na sraithibh—
Thall 'sa bhos mu Loch-fìne,
Ma 's fìor mo luchd-bratha.

Ann an clachan-an-Dìseart
'G òl fion air na maithibh,
Bha Griogair mor, ruadh ann—
Làmh chruaidh air chùl claidhimh.

Agus Griogair mor meadhrach—
Ceann-feadhn' ar luchd-tighe,
Mac an fhir á Srath-Arduil
Bhiodh na bàird ort a tathaich.

Bheireadh greis air a chlàrsaich,
'S air an tàileasg gu h-aighear,
'S a sheinneadh an fhidheal,
'Chuireadh fiughair fo mhnathan.

'S ann a rinn sibh 'n t-sithionn anmoch
Anns a' ghleann am bi 'n ceathach,
Dh' fhàg sibh an t-Eòin bòidheach
Air a' mhòintich 'na laidhe.

'Na stairsnich air féithe,
'N dóigh a reubadh le claidheamh,
'S ann a thug sibh ghreigh dhù-ghorm,
Bho lùban na h-abhunn.

Ann am bothan na dìge
Ghabh sinn dìon air an rathad,
Far an d' fhàg sibh mo bhiodag,
Agus crios mo bhuilg-shaighead.

Gur i saighead na h-àraich
So tharmaich am leathar,
Chaidh saighead 'am shliasaid-
Crann fiar air dhroch shnaitheadh.

Gu 'n seachnadh Rìgh-nan-Dùl sibh,
Bho fhùdar caol, neimhe,
Bho shradagan teine,
Bho pheileir 's bho shaighead.

Bho sgian nan roinn caoile,
'S bho fhaobhar caol claidhimh!
'S ann bha bhuidheann gun chòmhradh
Di-dòmhaich 'm braigh bhaile.

'S cha dean mi gàir éibhinn
'N àm eirigh no laidhe
'S beag an t-ioghnadh dhomh fein sud,
'S mi an deigh mo luchd-tighe.

Faisg air
da bhliadhna air ais, sgrìobh an t-Urr. <eng>Job Roadhouse<gai> á
<eng>Seeley's Bay, Ont.,<gai> 'g ar n-ionnsuidh-Ceadaichibh dhomh
innse dhuibh cho measail 'sa tha mi air K. D. C. Bha mo stamag cho
dona 's gu robh i deanamh coirce do m' amhaich, air uairibh bhiodh
eagal orm gu'n caillinn mo ghuth, ach thug K. D. C. a leithid a
dh'fhaodh 'chadh dhomh, 's gu bheil mi creidsinn gur h-e leigheas
stamaig a's fhearr a dh' fheuch mi riamh.

A RITHIST sgrìobh air Maigh 25, 1896, mar a leanas—"Cha chuala mi
neach sam bith a dh' fheuch K. D. C. ag radh dad 'na aghaidh, ach
tha gach aon 'ga mholadh mar leigheas math. Tha e 'ga mholadh fhein
's gach àite 'n e."

Cha toir tim smal air a chliù, agus gun teagamh 's e 'n leigheas air
cion-cnàmhaidh a's fhearr a gheibhear an Canada. Tha <eng>K. D. C.
Pills<gai> mar án ceudna anabarrach math air son a chuim.

Sampuill a nasguidh.
<eng>K. D. C. Company, Limited, New Glasgow, N. S., and 127 State
St. Boston Mass.<gai>

DH' IARRAMAID AIR
NA GAIDHEIL

's air muinntir eile a tha air son <eng>"Typewriter"<gai> a
cheannach, iad a dh' fheuchainn ainm na
Blickensderfer No. 5,

mu 'n ceannaich iad seorsa sam bith eile. A phris, \$35.00.

Tha seorsachan eil againn cuideachd.

<eng>CREELMAN BROS, Typewriter Co.,
15 Adelaide St., East,
Toronto, - - ONT.<gai>

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh
thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN agus BROGAN.

Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn
- 'g an creic-

SAOR! SAOR!

<eng>SIDNI, C. B. JOST BROS. 13 MAIGH, '98<gai>

[TD 385]

[Vol. 6. No. 49. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 3 IUN, 1898. No. 49.

LEABHAR NAN CNOC.

Tha MAC-TALLA 's mi fein a' caoidh nach 'eil Gaidheal beartach agus

muirneach a gabhail os laimh le airgid fein clodh-bhualadh ùr a dheanamh air Leabhar nan Cnoc, air an Teachdaire Gaidhealach, air na Sean Dana, 's air leabhraichean gasda Gaidhlig eile, air an coir do gach Gaidheal meas 'us urram mor a chur. Cha deachaidh ach aon clodh-bhualadh a dheanamh fathast air na leabhraichean urramach air an d' rinn mi luadh. Tha e 'nis anabarrach duilich aon de na leabhraichean ud fhaotainn airson gaoil no airgid. Gheibhear annta 'Ghaidhlig a's fhearr a tha air an t-saoghal; agus tha, da rìreadh, beachdan, 'us smuaintean, 'us eolas, 'us comhairlean a tha geamnuidh, eireachdail agus suilbhir, air an tabhairt 's air an nochdadh ann am briathran boidheach, caoimhneil annta. B' olc an airidh agus bu mhor am beud, gu rachadh na leabhraichean ud,—ionmhas luachmhor na canain Ghaidhealaich,—a dhith no gu tir dhuaichnidh na di-chuimhne. Tha gun teagamh, am measg cairdean MHC-TALLA, iomadh Gaidheal aig am bheil maoin us saoihbheas gu leoir. Tha Gaidheil bheartach a' gabhail tlachd ann a bhi 'crathadh an cinn, agus a' labhairt ann am briathran tuirseach gu bheil a' Ghaidhlig 'nam beachdsan a' faghail a' bhais. Ann an stri nan lann is e gnath nan saighdearan Gaidhealach dol gu gaisgeil an aghaidh gach dragh 'us cunnart 'us namhaid, agus buaidh iarraidh agus a chosnadh air gach ceap-tuislidh, 'us doilgheas, 'us daigheach bhunaiteach. Fosgladh na Gaidheil bheartach an sporan gu faoilidh, agus cuireadh iad a mach na leabhraichean pongail, milis, ciatach air an d' rinn mi 'cheana iomradh, ann an clodh-bhualadh ùr agus ann an eideadh nuadh, agus ma ni iad so,—agus carson nach deanadh iad e gu toileach, easgaidh,—gheibh a' Ghaidhlig aosda, onorach, fardach bhlath, ùrail ann an cridheachan nan Gaidheal a tha airidh air an ainm. Co 'dh' innseas gach maith, 'us solas, 'us toileachas a fhuair miltean bho 'bhi 'leughadh Gaidhlig chiataich, shnasmhoir Thormoid Mac Leoid agus nan sgoilearan eudmhor a thug an comhnadh dha 'n uair a bha e 'deasachadh Leabhar nan Cnoc, agus gach leabhair eile, 'rinn ainm iomraiteach agus gradhach an ear 's an iar, air feadh nan Gaidheal. Tha amharus laidir agam fein, gu faigheadh clodh-bhualadh ùr de Leabhar nan Cnoc agus na leabhraichean taitneach, greadhnach eile nach gabh faotainn no ceannach, margadh deas maith, agus le bhi 'togail pris chuimsich air an son, gheibheadh neach air bith a ghabhas air fein an cur a mach ann an sgeadachadh ùr, nodha, a chuid fein air ais ann an uine ghearr, agus gheibheadh e, mar an ceudna, ni gu mor a's modha luach: eadhon, gradh 'us taingealachd gach Gaidheil a tha 'n diugh beò, agus is fhiach Gaidheal a radh ris ann an da rìreadh.

Faodaidh sinn a bhi cinnteach gu d' fhuair an t Ollamh Mac Leoid moladh agus cliu nach robh gann no faoin, an uair a thainig Leabhar nan Cnoc a mach, leis gach comhradh laghach, leis gach eachdruidh thaitneach 'us leis gach bardachd cheolmhor a tha ann. Ma dh' fhaidte gu bheil am measg cairdean MHC-TALLA, daoine aig am bheil fathast cuimhne air an àm anns an d' fhag iad tir an fhraoich, 'us nam beann. Tha cuimhne aca air an tuireadh airsneulach a nochd an cairdean fein, an trath a bha iad a fagail beannachd gu brath ris an aite anns an d' rugadh iad, agus far an robh agus far am bheil, an sinnsearan tosdach ann an suain a' bhais. Chunnaic mi fein sealladh gle mhuladach, am feadh a bha mi gle òg; oir anns an long anns an robh mo dhaimhich agus mi fein, bha àireamh mhor a rugadh ann an

eileanan na Gaidhealtachd. Bha an long fa-dheoidh air broilleach a' chuain, agus a' fagail Albainn gu sgipidh as a deigh. Bha 'ghrian, lochran nan speur, ag oradh le 'solus buidhe, boidheach, nam beann ann an Diura. Bha na Gaidheil a nis a' faireachduinn gu robh iad a' faotainn an t-sealladh mu dheireadh air eileanan 'us cnoic an dùthcha. Streap iad suas anns na croinn, oir b'e seolaidearan sgiobalta 'bha annta, agus ghabh iad sealladh eile gu tiamhaidh, bronach air mullach nan cnoc a bha 'nis 'g am folach fein ann an dorchadas an fheasgair agus na h-oidhche, oir bha gathannan deireannach na greine air dol fodha anns an iar. Thainig na daoine a nuas bho bharr nan croinn. Bha na deoir a ruith gu frasach air an gruaidhean, 'us iad a' caoidh gu goirt nach robh dochas idir aca gu faiceadh iad gu brath tuille tir an graidh 'us nan laoch 'us a' chaoimhneis chaoimh.

"An Gaidheal a' fagail a dhùthcha:" is e so ainm dain ann an Leabhar nan Cnoic, a tha fìor bhoidheadh, agus fìor thiamhaidh. Cha 'n aithne domh rannan a's milse, a's ceolmhoire, 's a's taitniche na iadsan. Is ann bho mhinisteir d' am b' ainm Ceallaidh a fhuair an t-Ollamh Mac Leoid iad. Tha 'n dàn car fada, ged tha e fonnmhor, druighteach. Nochdaidh na rannan so cia co snasmhor, snuadhach 's a tha e.-

A Ghlinn mo ghràidh! rinn m' arach òg,
An eigin t' fhàgail 's mi gun treòir;
An eigin domh, 's do chloinn mo ghaoil,
Falbh gun duil ri tionndadh chaoidh?

Tha muinntir eil' air teachd d' ar tir,
A's sìol nan treun 'ga 'n cur a dhìth,-
Sìol nan treun, a ghleidh le buaidh
Ar beanntan àrd, a's traigh a' chuain.

A chlann mo ghraidh! cha dàil ni 's mo;
'S eigin falbh, 's cha 'n ann d' ar deoin;
Ar cnuic, ar glinn, 's ar beanntaibh àrd,
Fhàgail faoin gun chaoimh 'n an dàil.

Slàn le m' theach bha farsuing fial,
'Sa chòmhladh nach do dhruideadh riamh;
Slàn le leaca' fuar na h-uaigh,
Fo 'm bheil mo dhaimhich ciùin 'nan suain.

Slàn le Albuinn, ghleann is chnoc;
Oir 's éigin dhomhsa triall an nochd,
Gun duil am feasd ri cois air t' fheur,
Mo chreach! mo chràdh! 'se fàth mo dheur.

Cha 'n eil e comasach do Ghaidheal ceanalta air bith aire 'thabhairt do smuaintean 'us do bhriathran an dàin so, gun faireachduinnean crabhach, tuirseach a bhi air am fadadh suas gu tiamhaidh agus gu luath 'n a chridhe fein.

CONA.

LITIR A <eng>PROVIDENCE.<gai>

Tha cogadh air a ghairm a nise le Ard-riaghladh nan Stàitean Aonaichte ris an Spàinn. Faodaidh sinn creidsinn gu 'n robh, is gu 'm bheil, daoine gasda 'san Spàinn; ach leis an Spàinn a ghabhail mar rioghachd, cha 'n eil rioghachd 'sa Chrìosdachd a's modha a dhòirt de dh' fhuil neo-chiontach na 'n Spàinn, ach Sasuinn a mhàin. Bi 'n Spàinn a chuir a cheud luchd-àiteachaidh geal do America. Chi sinn ann an eachdruidh a sgrìobh am manach cliùiteach Spàinteach, <eng>Marc de Xalicia,<gai> a bha 'na cheannard air gach manach a bha de 'n òrdugh <eng>St. Francis,<gai> ann an <eng>America<gai> air fad, dol air adhart na Spàinne a'n <eng>America<gai>. Bha ann an eileinibh Bahama coig ceud mìle Caribbean, anns a bhliadhna 1509, ach mu 'n do chrìochnaich a bhliadhna 1590, cha robh Caribbean air fhagail ach 25 de na 500,000. Tha am manach ceudna ag innse gu 'n robh na Spàinntich a biadhadh

(Air a leantuinn air taobh 388.)

[TD 386]

[Vol. 6. No. 49. p. 2]

TAISBEAN MHIRSAH.

(Tha an sgeul briagha so air a thoirt á "Leabhar nan Cnoc," air am bheil "Cona" a' toirt iomraidh anns an àireamh so. Bha "Taisbean Mhirsah" air a chlo-bhualadh anns a' MHAC-TALLA roimhe, ach cha b'e an t-eadar-theangachadh so a bh' ann, agus mar sin bidh e, ann an tomhas, ùr do ar leughadairean. A bharrachd air sin, tha iad ag radh nach bu mhisde sgeul math innse da uair.)

Air a' chùigeadh là do'n ghealaich, a' choimhead mi naomh, a réir gnàth mo shinnsir, an déigh dhomh m' ionnlad, agus m' ùrnuigh mhaidne a chur suas, dhìrich mi ri beanntaibh àrda Bhagdait, chum a' chuid eile do'n là a bhuileachadh ann an co-chainnt ri m' chridhe féin, agus ann an ùrnuigh dhìomhair. Nuair a bha mi a' mealtuinn fionnachd an t-soirbheis air mullach na beinne, thuit mi ann an doimhne smuaintean mu dhìomhanas beatha mhic an duine; agus a' dol mar so o aon smuain gu smuain eile, Gun amharus, thubhairt mi, cha'n 'eil ann an duine ach faileas, agus tha 'bheatha mar aisling na h-oidhche. 'Nuair bha mi mar so a' smuaineachadh, thionndaidh mi mo shùil gu mullach craige nach robh fada uam; far am faca mi neach ann an dreach buachaille chaorach, agus inneal-ciùil 'na làimh. Mar dh' amhairc mi air, chuir e r'a bhilibh e, agus thòisich e air ceòl a sheinn. Bha'n fhuaim anabarrach milis, agus chluich e ioma port a bha ceòlmhor taitneach r'a chluinntinn, agus air na h-uile dòigh mi-chosmhuil ri aon nì 'chuala mi riamh. Thug iad a' m' chuimhne an ceòl neamhaidh sin a tha 'fàilteachadh anama nan naomh air an ùr theachd a steach do fhlaithneas, chum am fulangas deireannach agus acain a' bhàis fhuadach air falbh, 's iad féin uidheamachadh fa

chomhair sòlais an àite shona sin. Leigh mo chridhe an taobh a stigh dhiom, ann am mòr-shubhachas dìomhair. Chuala mi gu'n robh Urra-ghlic gu tric a'taghall na craige so, gu'n cuala iomad aon a cheòl-sìth-bhruth; ach cha b'fhiosrach mi gun facas riamh roimhe e. An uair a thog e mo smuaintean leis a' cheòl bhinn a sheinn e, gu tlachd a ghabhail d'a sheanachas, air dhomh beachdachadh air mar fhear fo ìoghnadh, smèid e orm, agus, le aomadh a làimhe, sheòl e dhomh dol far an robh e. Tharruing mi g'a chòir leis an urram sin a dhlighear do àrd-ghné, agus mar a thugadh buaidh iomlan air mo chridhe leis a' bhinn-cheòl a chuala mi, thuit mi sìos aig a chosaibh, agus thòisich mi ri caoineadh. Dh' amhairc e orm le fiamh ghàire, le caoimhneas agus caomhalachd co mòr 'na choslas, 's gu'n do chaill mi air ball am fiamh leis an d' thàinig mi 'na làthair. Thog e suas mi, agus 'gam ghlacadh air làimh, thubhairt e, "A Mhirsah, chuala mi do cho-sheanachas. Thig," ars' esan, "lean mise." Thug e mi 'n sin gu àrd-bhinnein na craige, agus le m' chàramh air a mullach, thubhairt e, "Tionndaidh do shùil ris an àird-an-ear agus innis dhomh na tha thu faicinn." Fhreagair mi, gu'n robh mi 'faicinn gleann mòr domhain, agus sruth mòr uisge a' ruith gu bras troimhe. "An gleann sin a tha thu 'faicinn," ars' esan, "'s e sin gleann na truaighe; agus an abhuinn a tha dol troimhe, is earrann i do shruth mòr na sìorruidheachd." Dh' fhiosraich mi dheth, Cionnus a bha tuil na h-aibhne, a bha mi 'faicinn a' sruthadh a mach á ceò tiugh-dhorchadais aig an darna ceann, agus gu grad a dol as an fhradharc ann an ceò a bha co dorcha aig a' cheann eile? "Na tha thu 'faicinn," ars' esan, "'si sin a' chuibhrionn do shìorruidheachd ris an abair iad aimsir, air a tomhas le gluasad na gréine, agus a' ruigheachd o thoiseach gu deireadh an t-saoghail. Rannsuich a nis," ars' esan, "le d' shùil, an fhairge sin a th' air a' crìochnachadh le tiugh-dhorchadas aig gach ceann, agus innis dhomh ciod a tha thu a' faicinn."—"Chì mi drochaid ann am meadhon an t-srutha."—"An drochaid a tha thu 'faicinn," ars' esan, "'s i sin beatha mhic an duine, rannsuich i gu mion." Air dhomh am barrachd beachd a ghabhail, mhothaich mi gu'n robh aice deich a's trì fichead bogha slàn, a bharrachd air iomad bogha briste; ionnus gu'n robh eadar shlàn agus bhriste mu cheud bogha ann air fad. An uair a bha mi 'g àireamh nam boghachan, dh' innis an Urra-ghlic dhomh gu'n robh mìle bogha air tùs san drochaid; ach gu'n d'thug tuil mhòr air falbh an còrr, agus gu'n d' fhàg i 'n drochaid san staid bhreòite san robh mi nis 'ga faicinn. "Ach innis domh a thuilleadh ciod tha thu 'faicinn oirre."—"Chì mi mòr shluagh," a' deir mise, "a' dol a nùnn oirre, agus is léir dhomh neul dorcha 'n crochadh os gach ceann di." Mar bheachdaich mi gu furachair, chunnaic mi iomad aon do luchd-turuis a' tuiteam tre 'n drochaid san t-sruth bhras a bha 'ruith gu dian foidhpe; agus, le barrachd mothachaidh, thug mi fainear gu'n robh àireamh mhor do ghné dhorsan air ùrlar na drochaid, air an cleth gu h-ìnnleachdach o'n t-sùil, air nach luaithe shaltair na coisichean, na dh'fhosgail iad fòdhpà, ionnus gu'n do thuit iad sìos rompa, do'n t-sruth, 's air ball chaidh iad as an t-sealladh. Bha na tuill fo làr so ro lìonmhor aig ceann na drochaid, far an deach an sluagh a stigh, air chor 's nach luaithe thàinig dùmhladas dhaoine 'mach as an neul thiugh na thuit mòran sìos annta. Dh'fhàs iad ni bu tierce mu mheadhon na drochaid, ach mheudaich an àireamh gu mòr, agus bha iad ni bu dlùithe aig ceann nam boghachaibh a bha slàn.

Bha gun amharus àireamh éigin, ach bu tearc iad, a ghabh greis air an aghaidh air na boghachaibh briste le ceum turamanach neo-chòmhnard; ach thuit iad a h-aon an déigh a chéile, air dhoibh a bhi air an claidh leis an turus shaoithreachail.

Bhuilich mi tamull beag a' smuaineachadh air a' ghnothach iongantach so, agus a liuthad ni a b' fhiach fhaicinn agus a thuigsinn a bh' ann am fhradharc. Mheataich mo chridhe le bròn, ri bhi faicinn mòran a sleamhnachadh air falbh as mo shealladh, gun dùil r'a leithid, agus sin ann am meadhon an sùgraidh agus am fleadhachais, agus a' deanamh greim-bais air gach ni a dh' fheudadh iad a ghlacadh chum an teasraiginn. Bha cuid ag amharc ri nèamh mar ann an tròm-smuaineachadh, agus ann am meadhon an-smuaintibh thuislich iad, agus thuit iad as mo shealladh. Bha àireamh lionmhor a' saothaireachadh gu dian ann an tòir air faileis, no air faoineachd nach b' fhiù, a bha boillsgeadh gu bòidheach fa chomhair an sùl, 's a' mireag rompa; ach gu tric 'nuair a shaoil iad gu'n robh e 'nan glaic, dh' fhosgail an drochaid fo bhonnaibh an cos, agus fodha' chaidh iad. Anns an ùprait choimhich so, chunnaic mi cuid do dhaoineibh le claidhnibh agus lannaibh, air an ais agus air an aghaidh air an drochaid, 'gam fòirneadh air na tuill fo làr so, a dh' fheudadh iad a sheachnadh, mur rachadh an cur a dh'aindeoin orra.

Air do'n Urra-ghlic m' fhaicinn a' buanachadh fada ni 's leòir air an t-sealladh mhuladach so, thubhairt e rium nach bu teichd fhad 'sa bha mi 'g amharc air. "Tog do shùil bhàrr na drochaid," ars' esan, "agus innis domh am bheil thu 'faicinn ni air bith fhathast nach 'eil thu 'tuigsinn." Air dhomh amharc suas, thubhairt mi, "Ciod is ciall do'n sgaoth mhòr eun a tha mi 'faicinn do ghnàth ag itealaich mu'n drochaid, agus a' luidhe oirre o àm gu h-àm? Is léir dhomh am fitheach 's am fang, agus iomad eun creiche eile nach urradh dhomh ainmeachadh." "Sud agad," ars' esan, "farmad, sannt, saobh-chràbhadh, eu-dòchas, agus a h-uile cùram agus an-togradh eile a tha 'n dual do bheatha mhic an duine."

An so tharruing mi osna thròm. "Mo thruaighe!" thubhairt mi, "chaidh an duine a chruthachadh gu dìomhain! Cionnus a tha e air a thoirt thairis do thruaighe, agus do neo-chinnteachd beatha, air a chlaoidh 'na bheatha, air a shlugadh suas ann am bas?" Air do'n Urra-mhath truas a ghabhail diom, "Fàg," ars' esan, "an taisbean muladach so. Na h-amhairc tuille air mac an duine ann an ceud thoiseach a làithean, 'na ùr-imeachd chum sìorruidheachd; ach beachdaich air a' cheò dhorcha sin chum am bheil an sruth gu dian a' giùlan uile linne dhaoine a tha tuiteam ann." Dh' amhairc mi mar dh' àithn e dhomh, agus, (co dhiùbh a neartaich esan mo fhradharc, air mhodh nach do thuig mi, no dh' fhuadaich e cuid do'n cheò, a bha roimhe so tuillidh 's deacair do'n t-sùil amharc troimhe,) chunnaic mi ceann thall a' ghlinne a' fosgladh gu farsuing agus a' sgaoileadh a mach na chuan mòr, anns an robh cruaidh sgeir a' dol tre a mheadhon, agus 'ga roinn 'na dhà earrainn co-ionann. Bha na neòil a' sìor shocrachadh air an dara h-earrainn, air chor 's nach b' urradh dhomh aon ni fhaicinn ann; ach bha 'n t-aon eile 'na chuan mòr, anns an robh eileinibh gun àireamh a bha làn meas agus bhlàithean, ioma mìle

muir

[TD 387]

[Vol. 6. No. 49. p. 3]

bheag, agus lochan bòidheach ag iathadh gu séimh sàmhach 'nam measg. Chunnaic mi sluagh air an éideadh ann an earradh ghlòrmhoir, le blàth-fhleasgaibh air an cinn, ag imeachd feadh nan craobh, a' luidhe sìos ri taobh nan tobar, a' gabhail fois air an leapaichibh tlàtha; agus chuala mi co-sheirm aig eòin cheòlmhor, torman nan allt, guth dhaoine, agus inneal-chiùil. Dh' fhàs mi ait le sealladh co taitneach fhaicinn. Mhiannaich mi sgiathan iolaire bhi agam, chum gu 'n rachainn air iteig do na h-ionadaibh taitneach sin; ach dh' innis e dhomh nach robh dòigh gu ruigheachd far an robh iad ach tre dhorsa a' bhàis, a chunnaic mi gach mionaid a' fosgladh air an drochaid. "Tha na h-eileanan," a deir e, "a tha co ùrar ghorm fa d' chomhair, agus leis am bheil aghaidh a' chuain air a bhreacadh co fad 's a chì thu, ni 's lìonmhoire na gaineamh na fairge; tha iomadaid eilean air chul na tha thus' a' faicinn, agus a' ruigheachd gu mòr ni 's faide na 's urrainn do shùil fhaicinn, no eadhon do t' inntinn a smuaineachadh. 'S iad sin flath-innsean nan naomh an déigh am bàis, a tha a réir tomhas am maitheis air an roinn air feadh nan eilean sin, anns am bheil gach aon diubh a sealbhachadh sòlais a tha 'co-fhreagrachd d' an càil agus do'n tomhas fhoirfeachd air an d'ràinig iad. Tha h-uile eilean 'na fhlaithneas air a dheasachadh fa chomhair an luchd-àiteachaidh a th' air an socrachadh ann. Agus a nis, O! Mhirsà, nach airidh na h-ionadan-còmhuidh sin spàirn a dheanamh chum an cosnadh? Am bheil a' bheatha sin taireil a tha toirt cothrom gu ruigheachd air luigheachd co àrd? Am bheil am bàs sin 'na chulaidh-eagail a ghiùlaineas tu gu beatha co sona? Na smuaintich gu'n do chruthaicheadh an duine an dìomhain, aig am bheil sìorruidheachd mar so 'na bheachd." Dhlù-bheachdaich mi le h-anabarra tlachd air na h-eileanaibh sona sin.—"Faidheòidh," thubhairt mi ris, "Nochd dhomh a nis an dìomhaireachd a ta'n cleith fo na neòil dhorcha tha os ceann a' chuain taobh thall na craige mòire." Cha d'thug e freagrachd dhomh, thionndaidh mi rìs a labhairt ris, ach dh'fhàg e mi. Thionndaidh mi a rìs a dh'fhaotainn ath-shealladh do'n taisbean air an robh mi 'beachdachadh; ach an àite an t-sruth chais, na drochaid le 'boghachaibh, 's na h-eileanan sona, cha'n fhaca mi 'bheag ach gleann domhain Bhagdait, le 'dhaimh, le 'chaoraich, 's gach spréidh eile, ag ionaltradh air 'uachdar.

IONMHAS ADHLAICHTE.

Tha, gu 'm bheil ionmhas falaichte fo 'n ùir, an còmhuidh a togail deidh dhomhainn agus tlachd do-mhineachadh air clann nan daoine; agus tha an deidh agus an tlachd so a' dol am meud o àm gu àm mar a tha ulaidhean agus tasgaidhean bhonn agus ionmhasan eile a' tighinn am folluis agus a cuir nan daoine fo gheasaibh d' an taobh.

Is ann air baile <eng>Falhills, Penicuik,<gai> faisg air Dun-

Eideann, a fhuaradh ionmhas an tràth mu dheireadh; agus is ceart agus ro cheart a thug na h-arsadairean breith air mar thachartas ainmeil. B'è cladhach no ruamhar faimh a thug an t-ionmhas am folluis air tùs; agus is e cruinneachadh taghta bhonn-airgid a tha ann deth; agus is e an àireamh, da chiad agus tri fichead agus a deich. Is peighinnean agus leth-pheighinnean de linn a' chiad agus an dara Eideard a' chuid is mo dhiubh, a chaidh an clò ann an caochladh àitean ann an Sasuinn agus an Eirinn; agus is buinn Albannach de linn an tritheamh Alasdair agus de linn a' Bhrusaich Mhoir cuid dhiubh.

Le cho stàthail agus a tha na buinn so a thaobh eachdraidh, agus an luach féin, tha maoir a' chrùn a' deanamh àird air an glacadh gu h-imir-chuimir. Le cho faicilleach agus a chaidh na buinn a' chleith, tha e coslach gur ann gun chabhaig a chuireadh am folaich iad airson tearuinteachd re aimsir stoirmeil, uireasbhuidh na h-Alba an deigh bàs a' Bhrusaich.

Anns na linntean fad air ais, an àm cogadh no geur-leanmhuinn, b'è an talamh an t-aon àite tearuinte anns an cuireadh urraidhean am beairteas; agus cha ghabh teagamh a' bhith, nach eil an iomadalachd ionmhais anns na h-ionadan is annasaiche agus is neònaiche.

O chionn àireamh bhliadhnachan, aig leagail do na saothraichean sean tighean ann an <eng>Exeter<gai>, bhuaill iad air taisg mhath bhonn-airgid, leis an do thòisich iad gun dàil air aighearachd agus aoibhneas a' dheanamh, gus an d' thug an ceannard aca an aire dhaibh; rinn e so ceasnachadh daingeann, agus bha a' bhuil, oir dh' amais e air meall eile ann an toll fo lic reidh. Is ann ré an aimsir o linn an ochdaimh Eideard gu ruig Cromwell, a chaidh na buinn so a' chlo.

An uair a theid taisg a' chuir seachad mar so, cha 'n eil, mar is trice, iomradh air an aite-chleith, agus is ann le tuiteamas a thigeadh orra; ach tha an iomadh aite air a chumail air cuimhne an t-sluaigh, agus is ann le beul-aithris a gheibhear a mach iad, rud a b' fhath gu minic do an toirt as.

Tha, faisg air Largo, an rioghachd Fiofa, meall ris an abrar, <eng>"Norie's Law,"<gai> am measg an tuaith, o chian gun chuimhne.

Tha beul-aithris 'ag radh gu'n deach gaisgeach mor 'adh-lacadh an sin le a luchd-leantuinn anns an luireach airgid bu eideadh dha anns an strith. Air leis a' gharbh-chuid de na daoine nach robh firinn idir anns an sgeul, ach ghabh fear eigin air fein gu diomhair gu'n cuireadh e an sgeul a teagamh, agus thug e am meall air anns an oidhche, agus fhuaradh leis roinn mhath armachd arsaidh airgid a reic e gun dail ri ceaird-airgid ann an <eng>Cupar<gai>, baile a bha dluth da.

Sgaoil an naigheachd so am fad agus an goirid an uine ghearr, agus air do uachdaran na h-oighreachd mion-rannsachadh a' dheanamh, fhuair e sgealban luirich-airgid, buill-maise agus binneanan-oirdhearcais claidheimh agus clogaid, agus sgiath-airgid agus tha

iad so uile fathasd air an gleidheadh ann an Talla-Largo.

Ged a rannsachadh an iomadh meall eile, is e so an t-aon fhear anns an do ghlacadh armachd airgid, agus bha so 'na dearbhadh air firinn a' bheul-aithris bha air a innseadh am measg an tuath.

Thachair cuis coltach ris ann an Eirinn. Bu abhaist do Easbuig Dhoire sean chlarsair Eirionnach a' thoirt an lathair leis an tric oran arsaidh Eirionnach a' ghabhail, ris an abrar, "Moire Borb," agus a chlarsach ag luidheadh agus ag eirigh mu seach mar atharrach-maise agus mar dhealtradh sgeimh do'n oran.

Is e bu bhrìgh do'n oran gu'n robh duine de mheudachd mhòr adhlaithe ann an aite araidh faisg air eas Baile an t-Seanoin, agus spangan an oir bu ghlaire dreach air a bhroilleach agus air a chulthaobh, agus fainneachan garbha de'n mhiotailt cheudna air a mheoir.

Mhol a' chuid bu mho de'n luchd eisdeachd ruintean agus durachdan an fhuinn, agus iad gun chreideamh aca anns an sgeul, ach bha dithis dhiubh ni's sgrudaiche agus ni's ceasnachaile na cach, agus thug iad an t-aite orra, agus mar dhuais air an saothair, fhuair iad da lann tana oir, da oirleach air leud agus coltas orra gu'm bu spangan luirich iad. Cha d'fhuair iad an corr, agus shaoilear gu'n robh neach eiginn eile ann rompa ag toirt firinn na sgeul gu deuchainn.

Am fagus do Mhold, ann an siorramachd Flint, bha torr ris an abrar, "Bryn-yr-ellyon," no cnoc nan sithichean anns an do luidh, a reir beul-aithris ionadail, craimhneach sgeadaichte an armachd oir.

An uair a chaidh an tom a' chuir as an rathad air son tuathanachais, thainig craimhneach foirfe duine am follus, uchd-eideadh, oir gun gho ag cuairteachadh a' bhroillich, air a chnapaicheadh agus air a ghrabhaladh ann an riochd thairngean agus shreathannan, tha e nis ri 'fhaicinn ann an Tigh-seanachd Breatunnach Lunnainn.

Mar so rinneadh fìor gach aon de na beul-aithrisean so, agus ghabhainn orm de dhanadas a radh gu'm bheil ursgeulan eile ann ionadan eile anns am bheil roinn de'n fhirinn. Aig Dolbury fa chomhair Churchill ann an siorramachd Wilts, tha campa comharraichte far an d'adhlaitheadh a reir seanachais a tha cho sian ri linn Leland, ionmhas mòr nach deach 'fhaotainn fathasd. Tha sgeul eile coltach ris, a thaobh Chaisteil Stokesay ann an siorramachd Salop far am bheil ciste òir falaichte; agus tha a leithid ri innseadh a thaobh Chaisteil Addleborough ann an siorramachd Eabhraic.

Bu spìocaire mosach fear de oighrean Chaisteil Blenkinsopp, agus is ann air a son fein, agus airson tearuinteachd a dh' fholuich a' bhean aige gu diomhair ciste oir nach gabhadh gluasad le ni's lugha na da threun

(Air a leantuinn air taobh 390.)

[TD 388]

[Vol. 6. No. 49. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 3 IUN, 1898.

(Air a leantuinn o thaobh 385.)

an cuid mhadadh air leanabaibh nan daoine truagha ud. Cha cheadaich ùine no àite dhomh, ach beagan a sgrìobhadh mu dheibhinn, ach aon air bith leis 'm bu mhaith làn fhios air dol a mach nan Spàinnteach ann an <eng>America<gai>, cha bhiodh a dhith air ach sgrìobhaidhean Mharc chòir a leughadh. Cha 'n eil ioghnadh ged a bhiodh na Spàinntich brùideil, oir tha iad neo-fhoghlumaichte. Tha 65 'sa cheud do nach aithne facal litreachas, agus tha 35 'sa cheud a tha 'nam foghlumaich; tha an àireamh sin a deanamh suas na sagartachd, nan àrd-uaislean agus an luchd-dreuchd. Chi sinn mar sin gu 'm bheil cumantaich na Spàinne air an cumail fodha.

Their cuid gu 'r cruaidh a chainnt a bhi ag raituinn gur i Sasuinn rioghachd Chrìosdail a's ciontaiche a tha air thalamh-tha e cruaidh ra luaidh gun ag-ach is firinn glan e. Nuair a rainig <eng>Puritans<gai> Shasuinn mor-thìr <eng>America<gai>, lùb iad an glùn, a tairgse iobairt thaingeachd do 'n Tì a thug iad sàbhailte troimh thonnaibh na h-Atlantic; ach cha luaithe a chuir iad crìoch air an iobairt bhuidheachais, na thog iad an claidheamh 'san spealt theine, 's thòisich iad air murt 's air marbhadh dhaoine neo-chiontach. Tha e gràineil ri leughadh, an dol air adhart a bha aca an <eng>New England.<gai> Bha aon rìgh gaisgeil an so aig an àm, ris an cainte rìgh <eng>Philip<gai>, a bha 'na charaide maith dhaibh, gus am b' éigin da éiridh 'nan aghaidh a chur stad air an gnìomharaibh an-ìochdmhor. Dhoirt na <eng>Puritans<gai> Shasunnach

do dh' fhuil neo-chiontach ann an <eng>New England,<gai> na chuireadh cabhlach beag air bhog.

Tilleadhmaid air ais gu ar tir fein. Co a bha dòrtadh fuil neo-chiontach Alba? Cha robh Albainn ach a dian a saorsa is a dùthchais, ach bha Sasuinn 'ga còmhach le fuil neo-chiontach gus 'n do dh' fhairtlich orra a ceannsachadh. Ged a bha gnìomh nan Spàinnteach fuath-thuillteannach a measg nan Cairibean, cha robh obair nan Sasunnach fada air deireadh ann an Gleann Moireastan, far an d' thug an t-arm Sasunnach air ceithir-deug de mhnathaibh còire a ghlinne dol air dronnaig chruaidh nan each, 's an sin, nuair a bha am miann brùideil riarach, an tilgeadh le 'n gunaichean 's iad nan suidhe air muin nan each. Thachair sin as deigh latha Chuil-Fhodair. Gabhadhmaid a suas a rithist thun na Ceapaich, 's siùbhladhmaid troimh Lochabar, a bha fo dhealt-foila bho cheann gu ceann; cuireadhmaid a rithist ar n-aghaidh ris an ear-dheas gu Gleann Comhan, is ciod a bhios againn ri raitinn, ach gu 'm bheil an fhuil ud a glodhaich bho 'n talamh, is gheibh i éisdeachd ge b'e c'uin.

Bho 'n la a dh' fhuaraich fuil nan Domhnullach anns a' chuile rioghail, ciod a bha na Gaidheil ach air an liodairt, air am foireigneachd is air an ruagadh, mar a chearc-fhraoich roimh 'n ghiomanach. Cha d' thug na Stiùbhartaich Shasunnach-Fhrangach, is na Caimbeulaich Fhrangach, fois no tamh do na Gaidheil, gus 'n do dh' fhàsaich iad gach gleann, is srath, is cluain, is còsag àluinn, thorach, fhasgach, a b' fhiach a bhi sealbhachadh an Gaidhealtachd na h-Albainn.

Duimhne, co a b'e Duimhne? An e fàs suas ann a measg nan ceanna-phollan ann an Loch Odha a rinn e mar a dh' fhas Topsy aig <eng>Uncle Tom's Cabin,<gai> ann am boglaichean <eng>Savannah<gai>; theagamh gu'r e bhi de 'n bheachd sin a thug air Diùc Iain a tha air mhaireann ann an Dun Ara fathast, creidsinn cho laidir 's an <eng>Darwin theory.<gai> Cha robh tighearnas aig Caimbeulach ann an Albainn roimh laithibh Raibeart Brus, ach bha piuthar do Raibeart Brus pòsda air uasal Frangach, aig an robh mac do 'n d' thug Brus oighreachd aig Loch Odha, a chaill na Dughallaich, meanglan de na Domhnullaich, a bha uaireigin cumhachdach. Is ann mar sin a thug Sir Ualter Scott duinn am fios mu na Caimbeulaich. Bha Guinich an Albainn. Dh' fhan cuid dhiubh sin nan Guinich fathast, (Gunns a theirear riutha 'sa Bheurla) 's dh' fhas cuid eile dhiubh nan Caimbeulaich. Chi sinn ann an eachdraidh Albainn le Seoras Buchanain, gu 'r iad na Domhnullaich a bha aige le deagh shloinnteachd; gu 'n do theirig an treibh le Alasdair. Bha na Stiùbhartaich Shasunnach is na Caimbeulaich Fhrangach nan cairdibh, is cha b' fheairrde na Gaidheil sin; ach threig na Caimbeulaich na Stiùbhartaich mhi-shealbhach nuair a chunnaic iad iad a' fàs lag.

"Cha b'e meud bhur n-ionntais
A dh' fhàg bhur fatlion rùmail,
Ach caraireachd is lùban,
'S gach cùis a dhol cam."

ars Iain Ruadh Stiùbhart, 'nuair a bha e fo 'n choill is na

Caimbeulaich air a thòir.

Tha sliochd na'm <eng>Puritans<gai> an so a lan chreidsinn gur iad féin gràine mullaich a' chinnidh-dhaonna. Ma tha aon idir na Shasunnach, ge nach deanadh am bleideagan ach gann tiormachadh as deigh smùid na h-Atlantic, bithidh e de iarmad nam <eng>Puritans<gai> air ball. Tha baile beag ann am <eng>Massachusetts<gai> ris an abrar <eng>New Plymouth,<gai> far an d' thainig na <eng>Puritans<gai> gu tir an toiseach; tha taigh beag ioghnaidhean ann—is a measg gach ioghnaidh a tha ann, tha poit-thi a bha aig na <eng>Puritans<gai> leis an robh iad a deanamh an ti air an turus-cuain. 'Nuair a their thu riutha gun robh sin ùine mhaith mu 'n d' thainig ti riamh do Lunnainn, cha chuir e gaiseadh na 'n ladarnas.

Sin agaibh beagan air gné a Gheancaich.

AONGHAS MAC AOIDH.

<eng>Providence, R. I.<gai>

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.

Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.

Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa 'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
Ma tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

[TD 389]

[Vol. 6. No. 49. p. 5]

Bha an sgadan anabarrach pailt mu chladaichean a tuath <eng>New
Brunowick<gai> o chionn seachdain do dha air ais.

Tha moran dhaoine a' falbh á Newfoundland gu ruige <eng>Crow's Nest
Pass;<gai> tha còrr us mìle dhiubh air a dhol ann o mheadhoin a'
gheamhraidh, agus tha iad a' sior fhalbh.

Tha iad ag radh gu bheil an t-òr a thatar a' faotainn ann a' Hogamah
a' tionndadh a mach gu math, agus nach ruith moran uine gun na
mèinnean a bhi air an obrachadh le neart.

Bha e 'na chleachdadh roimhe so ann a' Halifacs, àireamh de na
stòraichean beaga bhi fosgailte air an t-Sàbaid, ach tha luchd-
riaghlaidh a' bhaile a nise 'cur rompa nach leig iad sin air adhart
na's fhaide, oir tha e 'n aghaidh lagh na dùthcha.

Tha fear Arthur Haliburton, a mhuinntir Nobha Scotia, a nise 'suidhe
ann an Tigh nam Morairean, an Lunnainn, a cheud duine á Nobha Scotia
a rainig an inbhe sin riamh. Is mac e do 'n Bhreitheamh Haliburton,
ughdar "Sam Slick," leabhar a tha ainmeil air feadh an t-saoghail gu
léir.

Thainig soitheach a stigh do Halifacs toiseach na seachdain s'a
chaidh agus mìle de luchd-imrich aice air bòrd; bha iad uile 'dol an
Iar. Bha a bhreac air bristeadh a mach 'nam measg air an turus, agus
tha iad uime sin, air an cumail o dhol air tìr gus am faicear am
bheil an tinneas a' dol a sgaoileadh am measg chàch.

Chreanaich fear-lagha ann an Toronto o chionn ghoirid air a bhi 'na
fear-tagraidh aig cùirt an aghaidh mnatha. Beagan lathaichean an
deigh na cùirte, thachair i air 'se 'gabhail na sràide, agus bhual
i e, cho dona 's gu'n deach e ann am paiseanadh. 'Se 's ainm do'n
cheatharnach mhnatha so Mor Bhowen, agus b'e am fear-lagha Mr.
Osler, fear de'n fheadhain a's tapaidhe a tha 'sa bhaile.

Rinn a' Bhan-rìgh Ridirean dhe na h-uaislean a leanas air co-ainm
latha a breith:—Dr. Bournot, Cleireach Tigh nan Cumantach; an t-
Onarach O. A. Pelletier, Ceann-suidhe an t-Seanaidh, agus an t-
Onarach J. D. Edgar, ceann-suidhe Tigh nan Cumantach. Is e an Dr.
Bourinot a cheud duine mhuinntir an eilein so a fhuair a bhi 'na

Ridire. Chaidh àrach ann an Sidni. Tha e 'na dhuine tapaidh, air am bheil fìor mheas, agus a tha làn airidh air an urram a chuireadh air.

Thainig fiosan an la roimhe ag radh gu robh blàr mor air a chur eadar na Spàinntich agus na soithichean Geancach, ann an acarsaid Santiago, Di-mairt, agns gu 'n deach an latha leis na Geancaich. Cha 'n eil an sgeul so co-dhiu air a deanamh cinnteach, agus theid beagan ùine seachad mu 'n gabh sin deanamh. Air chul sin, cha d' thainig fios sam bith re na seachdain air an fhiach iomradh a thoirt. Tha moran de na saighdearan Geancach a bàsachadh le fiabhrus anns na h-Eileanan Philipeach.

Bha corp an Onaraich Uilleam E. Gladstone air a thiodhlacadh ann an Abaid Iar-mhinistear Di-satharna s'a chaidh; tha e fhein agus Morair Beaconsfield, a bha re am beatha daonnan an aghaidh a cheile a thaobh cùisean-riaghlaidh, 'nan laidhe taobh ri taobh, ann an suain a' bhàis. Bha an tiodhlacadh air a dheanamh le greadhnachas mor; bha Prionnsa Wales agus a mhac, Diùc York, da oighre 'Chrùn, 'nan seasamh aig ceann na ciste, agus cha robh urram a b' urrainn uaislean no islean a chur air nach robh air a nochdadh. Thatar a' meas gu'n deachaidh mu cheud mìle pearsa dh'amharc a chuirp Di-haoine, an latha romh 'n tòrradh.

Chaidh moran rionnaich a ghlacadh mu chladaichean Nobha Scotia air an t-seachdain s'a chaidh. Bha deagh mheudachd anns an iasg.

Bha an t-side gle thioram o chionn beagan ùine air ais, agus cha bu mhisde an talamh beagan uisge. Shil beagan air an t-seachdain so, ach chuirte feum air tuilleadh.

Thainig fear Iain Hamilton, ann a' Westville, N. S., ri bheatha fhéin air an t-seachdain romh 'n t-seachdain s'a chaidh. Chroch e e-fhéin. Bha e ann an droch shlàinte ùine mhath roimhe sin.

Chaidh soitheach-seòlaidh Frangach a chall o chionn seachdain no dha air ais, 'si air a turus eadar Louisbourg agus St. Pierre le luchd guail. Bha sgioba fichead duine air bord, agus thatar a' deanamh a mach gu'n do chailleadh iad uile.

Tha sinn a' cluinntinn gu bheil na mathain gle phailt air feadh na dùthcha air an t-samhradh so, agus gu bheil iad a' deanamh call mor am measg nan caorach. Chunnacas a ceithir dhiubh faisg air an rathad mhor aig an Amhuinn a Tuath, aon latha air an t-seachdain s'a chaidh.

Tha sinn an comain Iain Mhic-a-Bhiocair, ann an Rescue, Mich., agus Eoghain Chaimbeil, ann an Sycamore, Illinois, air son a bhi cur phaipearan-naigheachd nan aiteachan sin ugainn o am gu am. Mar an ceudna, Tearlach Mac Aoidh, an Lunnainn, air son paipearan Gaidhealach agus Sasunnach.

Bha na taighean, na saibhlean agus an spréidh aig dithis thuathanach, ann an St, Thuribe, an Cuibeic, air an slugadh suas le

meall talmhainn a thuit a nuas bhar beinne os an cionn, toiseach na seachdain s'a chaidh. Bha nighean bheag le fear dhiubh, aois chóig bhliadhna, air a giùlan air falbh anns a mheall 's air a marbhadh.

Bha ùpraid mhór ann a' Halifacs a sheachdain gus an dé. Fhuair na saighdearan òrdugh á Breatunn, gach àite-dion a bha timchioll na h-acarsaid a ghearasdanachadh, agus bha sin air a dheanamh an taobh a stigh de dha uair, aeh chuir e gu mor 'nan cabhaig iad. Cha 'n eil teagamh nach ann a' cur deuchainn orra bha an luchd-riaghlaidh thall, feuch de cho math 'sa dheanadh iad an àm feuma.

Am feadh a bha àireamh dhaoine ag obair air rathad-iaruinn a thatar a' fosgladh ann an siorrachd Shelburne, fhuair iad cnàmhan duine ann am boglaich, mar gu'n tuiteadh an duine ann an comhair a chinn. Tha e air innse gu'n deachaidh ceannaiche air chall anns an aite sin mu dha fhichead bliadhna air ais, agus nach d'fhuaireadh sgeul riamh air. Thatar a' deanamh mach gur e cnàmhan an duine bhochd sin a fhuaireadh leis an luchd-obrach.

Di-satharna s'a chaidh bha MAC-TALLA sia bliadhna dh' aois; thainig a' cheud àireamh a mach air an 28mh latha dhe'n Mhàigh 'sa bhliadhna 1892. Thainig adhartas math air uaithe sin, agus le cuideachadh nan càirdean, tha sinn an dochas gu'n tig adhartas air am bliadhna nach d' thainig air an aon bliadhna fhathast. Deanadh an luchd-gabhail an cuid-san gu math, agus ni sinne ar cuid fhéin air dòigh, tha sinn an dòchas, a bheir deagh riarachadh dhaib uile. Rachadh "Clanna nan Gaidheal an guailibh a cheile!"

POSAIDHEAN.

—Ann am Boston, Mass., air an 26mh latha de Aprail, leis an Urr. A. D. Mac Fhionghain, B. A., Domhnull N. Mac Leoid ri Caorstaidh S. Dhomhnullach, le cheile mhuinntir Cheap Breatunn.

—Ann am Boston, air an 11mh latha de 'n Mhàigh, leis an Urramach cheudna, Uilleam Brown, a mhuinntir Bhoston, ri Nettie Snow, a mhuinntir Nobha Scotia.

—Ann am Boston, air an 19mh latha de 'n Mhàigh, leis an Urramach cheudna, Aonghas H. Domhnullach, ri Johanna Nic Fhionghain, le cheile mhuinntir Cheap Breatunn.

[Dealbh]

<eng>THE WANZER LAMP.<gai>

Cumaidh i solus riut.

Goilidh i 'n coire dhut.

Bruichidh i 'm biadh dhut.

Tairnidh i 'n ti dhut.

Cha chosg i uiread olla ri lamp' eile, agus ni i solus moran na 's fhearr. Gheibh thu ri ceannach i aig

CAIPT. RUAIRIDH MAC NEILL,
Sidni, C. B.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an
deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth
air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann
am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

[TD 390]

[Vol. 6. No. 49. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 387.)

fhear deug; agus is ann a rinn i a gnothuch cho deachdta sin, agus
nach fhacas an t-ionmhas a rithisd. Aig Bromfield faisg air Ludlow,
bha uamh anns an robh fo chleith taisg mhor oir, agus fhuaradh cuid
dith leis an Iarla Warren, agus tha a cheart leithid de luach mor
aig Bransil ann an siorramachd Hereford. Ann an <eng>Wimhill Pond,
Acton, Suffolk,<gai> tha ciste airgid, agus mar chomharra air,
cluinnear, ag stairirich ris a' cheist a' chlach a thilgear anns an
uisge.

Cluinnear moran de na sgeulan so ann an Alba. Theirear gur ann aig
drochaid <eng>Chraufurdland<gai> faisg air Kilmarnock a tha prais
oir air iochdar linne, fo eas aibhne bige. Dh'fheuch Fear
<eng>Chraufurdland<gai> ris an ionmhas a' thogail, agus dhuin e suas
rathad an uisge, ach an uair a shaoil leis a' bhith deisearach da,
agus buillean nan oibrichean ri an cluinntinn air a' phrais, dh'
eirich an glaodh gu'n robh tur <eng>Chraufurdland<gai> ri theine.
Sguireadh de'n trochailt, agus air do an luchd-siridh tilleadh, an
deigh dhaibh rannsachadh fath an rabhaidh bhreugaich, bha an t-eas

ag ruith 'na dheann, thairis air an linn.

Aig <eng>Carnwarth, Lancs,<gai> tha meall neonach fo choill ris an abrar <eng>The Moat;<gai> tha arsadairean ag creidsinn gur ceann e de aiteachan-suidhe an "Witanagemot," agus theirear le beul-aithris gu'm bheil toll air a' mhullach a ruigeas gus an taobh asteach. Ma leigear le cloich tuiteam sios an toll, cluinnear gleadhraich a' mhiotailt, ach dh'fhairtlicheadh air gach oidhirp a thugadh riamh chuige so le feirg nan duilean. Chuartaich mise an tom agus dh'fhairtlich orm fein an toll 'fhaotainn; gidheadh, tha lag air a' mhullach agus ma dh'fhaoidte rinneadh e le obair luchd-toir an ionmhais.

Tha cuid ag creidsinn gu'm bheil meinn bheairteach oir ri a faotainn ann <eng>Largo Law,<gai> Fiofa, ach cha d' rinneadh sgrudadh ceart riamh air a son; ach mar dhearbhadh air gu'm bheil e ann, thatar 'ga radh gu'm fagar olann nan caorach buidhe an deigh dhaibh luidh air mullach na meinne. Tha an taisg ainmeil sin ris an abrar <eng>Katie Nevie's hoard<gai> faisg air Dun Eideann eadar Dillerhill agus Crossford, agus is e "lan-choire, lan-bhroige, agus lan-seiche oir" a tha ann dith; is neonach an ulaidh i, agus neonach doigh a cuir; ach mor gu leoir airson righ a' bhuaireadh. Tha am facal "nevie" ag toirt 'nar cuimhne am facail Galldachd "nieve" no dorn duinte, agus faodar a' bhith cinnteach gu'n robh dorn Ceit spiocach, cnuasach, faicilleach. Tha ionmhas mor ri 'fhaotainn a reir iomraidh, ann an Caisteal Hermitage, a tha 'na dhaingneach cliuiteach, agus tha ionmhas eile 'na luidh sios o tham-leuchar Crois, Selkirk.

Tha an iomadh seanachas eile ioma-ruitheach ann an Eirinn. Tha cnoc "Caisteal Ionmhas" dluth do bhaile Dubh-glas, beagan mhiltean a deas air Corcach, far am bheil "creagan oir" ro luachmhor fo chleith. Corra bhliadnachan air ais, bha glidicheadh mor ann an uair a fhuairteach soitheach creadha agus innealan prais ann, agus chruinnich domhlachdan agus duil laidir aca gu'n robh iad an inbhe beairteis mhoir 'fhaotainn. Ann am Meidh, thatar 'ga chreidsinn gu'n d'fhag na Lochlannaich roinn mhath oir an cleith, agus gu'm bheil e fathasd far an deach a chur.

Ach tha an t-ionmhas is mo ri a shireadh ann an arus cruinn, de an goirear <eng>Moat of Diamos,<gai> agus ma's fìor beul an t-sluaigh, tha naoidh gingeanan oir, agus mar fhreiceadan orra cu dubh, agus ball geal air a chorp chum leigeil ris gun dragh dhuit, far an coir beum marbhtach a' bhualadh chum an t-or a' ghlacadh, ach gu ruige so fhuair an cu agus an t-ionmhas as air an spuinneadair.

Sin cuid de na h-ursgeulan a thaobh airgid fo chleith agus cha'n 'eil e mi-choltach gu'm bheil roinn de'n fhirinn annta air an suaraichead; agus gu'n tigear air iomadh taisg diomhair luachmhor le cuairteachadh eifeachdach.

RIAGHAILTEAN AIRSON A' GHAIHLIG IONNSACHADH.

1. Anns a cheud dol a mach cuir romhad ma tha e na d' chomas, deagh

fhear-teagaisg a bhi agad-saoraidh e moran ùine dhuit le 'bhi glanadh air falbh moran imcheistean a bheireadh 'uat do mhisneach, ga d' chumail o droch mhodh labhairt ionnsachadh a dh' fheumas a bhi air a dhi-chuimhneachadh leat air a cheann mu dheireadh.

2. 'Se 'n ath cheum h-uile ni air an laidh do shùil ainmeachadh a mach anns a' chainnt a' dùnadh a mach, agus sin gu cùramach, eadartheachd a Beurla. Ann am briathraibh eile o'n cheud uair a thoisicheas tu air a bhi air do theagasg, mèdraich 'us dean no cum còmhradh riut fhein anns a' chainnt, air gach ni timchioll ort, agus cuimhnich gum buin a' chainnt, 's a cheud àite, gu h-àraid, cha 'n e mhàin mar tha e na d' leabhar 's na d' eanchainn, ach gu d' chluas 's gu d' theanga.

3. Sparr gu teann na d' chuimhne tearnadh ainmearan is simplidhe, agus is mo tha réir riaghailtean.

4. Cho luath 's a dh' ionnsaicheas tu cuir na h-ainmearan sin, gabh a' cheud phearsa dhe 'n Taisbeanach lathaireil agus abair no aithris a mach, gu snas-briathrach, ciallairt goirid a réir raghailtean rialtachaidh gnìomhair anns an ghuth spreigeil no spreigeach, mar "Chi mi a' ghrian."

5. Leudaich an cleachdadh so le 'bhi a cuir ris an ainmear facal eile anns am bheil buaidh, iar a thearnadh a reir an ainmear sin, mar "chi mi a' ghrian ghlòrmhor."

6. Rach air d' adhart air a mhodh so ceum air cheum, a' sparradh na d' chuimhne an Taisbeanach lathaireil, an Seachadail 's an Teachdail thaisbeanach de ghnìomharan simplidh, a ghnàth a' deanamh ciallairtean goirid leò, agus le ainmearan freagarrach; a sior meorachadh 's a' chainnt agus a' dùnadh a mach na Beurla, no eadhon a blas.

7. 'Nuair shiubhlas a chluas 's an teanga gu deiseil thar cleachdaidhean ainmearan, gnìomhairean 'us ciallairtean simplidh, an sin-ach cha b' ann gu sin-bu choir do 'n fhoghlumiche 'bhi air a threòrachadh gu cleachdaidhean n' is doirbhe 's n' is deacaire.

8. Na biodh ni air ionnsachadh bho riaghailtean nach cuirear air ball gu feum ann an cleachdadh, neò-agus is e so 'n dòigh is fheàrr-leig le cleachdadh na cluaise 's an teangaidh iad fein na riaghailtean fhoillseachadh, agus bitheadh iad tearc agus so-thuigsinn.

9. Is fhearr gach ni nach 'eil a reir riaghailtean ionnsachadh tre chleachdadh mar thig iad; ach ionnsaich air do mheomhair leithid an fheadhainn sin thig na d' rathad gle thrì, mar an Gnìomhar "Bi."

10. Leubh 's a cheud dol a mach sgeul soirbh air choreignich, ach na leig le leubhadh tighinn an àite mèdachaidh 'us labhairt. Is e 'n dòigh is fheàrr dhuit gu so a bhacadh gach ni a chi thu mu d' timchioll ainmeachadh a mach aird' do ghuth anns a' chainnt, riut fhein, gun smuaineachadh air a' Bheurla.

11. Aithris a rithisd agus a rithisd gach oileanachaidh leughaidh agus mineachaidh. Ma tha leabhar sam bith airidh 'us feumail air a bhi air a leughadh ann an tra-cheumannan d' fhoghlum, is fhearr e bhi iar a leughadh barrachd 'us aon uair.

12. Cho fad 's tha na d' chomas, bitheadh do leughadh a ghnàth a reir càil d' inntinn. Ma thaitneas e riut is ann is fhearr agus is luaithe thig thu air d' aghairt. Is mor an cuideachadh beagan eòlas bhi agad air an ceann-teagaisg roimh laimh. Air an aobhar so, do Chriosduidhean d' an aithn' an Sgriobtuir, mar is aithne dhuinne 's an dùthaich so, is e 'n Leabhar is feàrr gus a' Ghàidhlig ionnsachach—"am Biobull."—<eng>Highland News.<gai>

TUATH BHEANNAICHTE.

LE DONULL MACCALUM.

Air an là 's an do chaochail Seumas Donn, aig an robh leth Thoruaine (bha an leth eil' aig Uilleam Beag, a' bhrathair) ghairm e a' dhithis mhac, Colla agus Rob, agus mar so labhair e riu—"A' chloinn mo ghaoil, gu m' dhachaidh shìor, an diugh, tha mis' a siubhal, Fhuair mi ur 'n ainm, le chéile; 'chur ann an Leabhar a' Mhàil. Gradhaichibh a chéile. Mo bheannachd leibh."

Cha luaithe bha athair air adhlac na chaidh Colla, os ìosal, far an robh Uilleam, bràthair-athar, a dh' fhaodainn a' chomhairle air ciamar 'bheireadh e a' chòir o Rob. Mar so thubhairt e ri Uilleam—"Dh' fhàg m' athair, mar tha fios agaibh, am fearann a' bh' aige, leth mar leth, eadar mo bhràthair, Rob, agus mì féin. Ach tha fios aig Dia gu bheil am fearann sin beag gu leòir dhomh féin, fear mo theaghlach. Math dh' fheudte gu'n cuir sibhse mi air seòl anns an toir mi

[TD 391]

[Vol. 6. No. 49. p. 7]

o Rob a chòir air an fearann, gu'n chomas a bhi aige coire 's am bith, gu brath, a chuir ormsa?" "Eisd ri so," deir Uilleam, agus leugh e as a phaipeir-naigheachd, a bha na laimh, na bhriathran so—"Aig cuirm ràitheil Comunn an t-Sòrachain, ann an seomar-aoidheachd Ban-Tighearna nan Creagan-liath, thug <eng>Lady Lora,<gai> a bha sonraichte maiseach air a sgeudeachadh ann an trusgan fada sìoda, daite buidhe 's uaine, seachad òraid mhòr agus mhath. Dhearbh i gu'n robh an tuath bh' air a' h-oighreachd uile gu léir beannaichte. Croiteir air bith air an rachadh ùbhladh a chur air son briseadh lagh na rìoghachd, no gheibhtear ciontach do eas-ùmhlachd aon de seachd-àinte-deug féin bha 'bhàirlinn cinnteach ri bhi air a cuir na 'dhorn. 'C'arson,' le guth binn, ghlaodh i, 'nach lean na h-uachdarain gu léir m' eiseamplair? Ma ni iad sin, ann an ùine ghearr, bithidh sluagh nan Ard-bheann uile gu léir beannaichte.'" "

'N uair a leugh Uilleam sin, sheall e air Colla agus thubhairt e –“Tha fios agad gur h-i <eng>Lady Lora<gai> ar Ban-uachdaran féin. Nach 'eil Rob gu math togailteach na 'nàdur?” “Glan mar an diamond,” deir Colla, “ach bras mar am fùdar.” “So a nis,” ars' Uilleam, “mo chomhairle-sa dhuit-'Nuair a bhitheas ur sgioba, 's a' mhaduinn, a cuir a mach a bhàta, gabh cothrom air fearg a chur air Rob, agus 'n uair a bhitheas gu leòir de dh' fhianuisean ann, leig leis do bhualadh. Gabh ort a bhi, gu mòr, air do dhochainn; teich dhachaidh 's thoir do leabaidh ort. Cuir mise dh' iarraidh an lighiche, agus mu 'm faigh Rob cothrom air maithneas iarraidh ort, cuir do bhean, ann an deanna nam bonn, 'thoirt na cùis a suas do'n lagh. Cha luaithe 'chuireas an Siorra ùbhladh air Rob na chuireas <eng>Lady Lora<gai> a' bhàirlinn na 'dhòrn, agus gu bràth cha'n urrainn e coire 's am bith 'chuir ort-sa.”

Air an ath là rinn Colla gach ni mar chomharlaich Uilleam e, agus thachair a chùis mar bha duil aige. Thubhairt an lighiche gu'n robh Colla bochd air a' dhochann gu ro olc 's an leth a stigh, far nach ruigeadh duin' air, agus gu'm feumadh e fanachd, air a' dhriom dìreach, 's an leabaidh fad trì làithean.

'Nuair a fhuair Colla, mar so cothrom smuainteachaidh, na leabaidh, thubhairt e ris féin–“'S e duine cunnartach 'tha 'n Uilleam, bràthair-m' athar. Tha mi nis a tuigsinn c'air son a chuidich e leam Rob a chuir às an fhearann. Mur toir mis' an t-sitig do Uilleam bheir easan dhomhs' i. Ma théid Rob fhuadachadh air son briseadh lagh na rìoghachd théid Uilleam fhuadachadh air son eas-ùmhleachd do aon de àintean <eng>Lady Lora.<gai>

Mu'n d' éirich Colla o leabaidh chuir e litir, gun ainm rithe, thun buachaile nam bàrag, a toirt sanais dha gu'm bitheadh Uilleam Beag ag iasgach bhàrag, roimh bhriseadh an latha, air an ath Dhi-luain, ann an Tob-na-muic, agus mar sin a briseadh dara àint' <eng>Lady Lora.<gai> Chaidh Uilleam a ghlacadh a briseadh na h-àint'.

Chaidh Rob, air son briseadh lagh na rìoghachd, agus Uilleam, air son eas-ùmhleachd do dhara àint' <eng>Lady Lora,<gai> a chiontachadh 's an aona mhòd; agus air an aon là chaidh a' bhàirlinn a chur na 'n dorn. Mar sin shealbhaich Colla còir, na aonar, Toruaine.

J. E. EISAN.

Pianos agus Orgain.

An seorsa 's fhearr a thatar a creic.

PRISEAN GLE REUSANTA.

SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu

Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Bainne, Airneis-taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.

An Stor aig

<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaisg air laimh. Ma tha thu air son
Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige
math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle
thoileach a shealltuinn.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan a tha 'deanamh gnothuch ris, tha

<eng>Albert I. Hart<gai>

a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an

DEAGH RIARACHADH.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-

E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 392]

[Vol. 6. No. 49. p. 8]

Laoidh.

Anns an t-saoghal bithidh amhghar agaibh; ach biodh deadh mhisneach agaibh, thug mise buadh air an t-saoghal.-Eoin, xvi: 33.

Ged tha mi 'n so 'san fhàsach,
Fo àmhghair is le alaban,
A thaobh mo thruail'eachd nàduir,
Dh' fhag corp a bhàis na eallach dhomh.
'S ann tha mo dhòchas tearnaidh,
A chomhnaidh anns na h-ardaibh,
'S tha craobh na beatha fàs ann,
'S gu bràth cha bhi mi anaiseach.

'S tha galair air mo ghiùlan,
Dh' fhàg brùite mi 'nam fhaireachdain;
'S ged theid mi air mo ghlùinean
An cùil no 'n àite 'm faicear mi.
Ach 'se ceann a chùmhnaint,
Nuair sheallas mi dha ionnsaidh,
'N sin bheir e spionnadh 's lùs dhomh,
'S ni e ag ùr mo neartachadh.

B' fheumail dhuinn an còmhnaidh
Le stòltachd bhi ro fhurachair,
'S na h-airm a dh' innis Pòl dhuinn-
Ni 'm feòlmhor iad ach cumhachdach-
Bhi againn ann ar dòrnaibh
Gu gleachdadh leo an còmhnaidh
Is fhocal bhi na lòchran,
Gu 'r seòladh anns na h-uile ni.

Nuair ghabh am peacadh fàth oirnn
Tre 'n àithne thug e 'n car asainn,
'Nuair mheall e sinn bho fhàbhar
An àrd-Rìgh 'se cion faire bh' ann.
Nuair dhith sinn dearan fiadhain
Tha deisinn air na fiaclan,
Chuir sud mar bhogha fiar sinn
Ro fhada cian air seacharan.

Do pheacaich sinn da-rireadh,
An aghaidh Rìgh na flathanais,
'S gun dh' fhag sud sinn fo dhiteadh,
Na binne thug an ceartas oirnn.
Sann aig "Iehobha-Ierebh"
A dh'ullaicheadh an Iobairt,
'S tha thearainteachd aig Isac,
'Sa chaidh bi shith dha maireannach.

'S tha dalladh air bhur léirsinn,
A chum ur feuman fholach uainn,
Gu sùil a thoirt na dheidhsan
A chum a cheuman aithneachadh.
'Se 'n Ti a phaigh an éiric,
Le Iobairt a chroinn-cheusaidh,
'S nuair dhoirt e fuil na reite,
'S tha eifeachd chum ur glanaidh innt'.

'Se an gealladh thug e dh' Adhamh
'Sa gharadh, 'nuair a pheacaich e:
Gun robh cuspair àraidh,
Gu teachd an àite pheacairean.
Gun tigeadh ann an nadur,
An neach a bhruthadh Sàtan,
'S bha Maois is Abraham,
Le gairdeachas a dearcadh air.

'S fhad o'n dh' innis Daibhidh
'S Isaiah gum b' aithne dhoibh
An Ti, ann san robh tàmhachd,
Ga teachd an aite pheacairean.
'Nuair rugadh dhuinn 'san stapull,
Fo chomhair Ioseph 's Mhàiri,
An neach a ghabh ur nadur,
Immanuel nam beannachd e.

'S mun d' thainig e bhon airde
Bha shuil a ghnath a dearcadh air,
Na prìosanaich bha 'n sas
Chum an teanadh on a pheacaich iad.
'S ged bha Caiaphas
Is Pilat, 's na bha laimh ris,
Is adhaircean air Bhasain,
Cha do chur sud sga na gealtachd air.

(Ri leantuinn.)

Rannan Air Bas Mic.

LE IAIN CAIMBEUL, BARD NA LEADAIG.

A Chailean, a Chailean, a Chailean a rùin,
Gur cràiteach mo chridhe 's na deòir ann am shùil,
Tha m' inntinn fo mhulad, fo mhulad, gun sùnnt,
Bho 'n dh' fhàg mi mo Chailean 's an Achadh fo 'n ùir.

Tha t' aogas gach latha fa chomhair mo shùil;
'S gu 'n saoil mi mar àbhaist gu 'm bheil thu dhomh dlùth
Le d' aghaidh mhìn, bhòidheich, 's do mheall shùilean gorm',
'S do bhilean a nis nach dean mánran no toirm.

Gur trom tha mo cheum a' tighinn dachaidh 's an oidhch',
Is bristeadh 's a' chròilean a b' àbhaist bhi cruinn;
Bidh càch tighinn a m' choinneamh 's a streupadh ri m' ghlùn,
Ach aon dhiubh tha 'm dhith, is cha till e ri ùin.

Cha 'n eil bràthair a nis aig do pheathraichean gaoil,
'S tha t-athair 's do mhàthair 'g ad ionndrain o 'n taobh;
Ach dh' iarr thu mu 'n d' fhàg thu nach robh sinn ri caoidh,
Is sùil bhi ri dachaidh a mhaireas a chaoidh.

'N uair a shiab thu na deòir o ar sùilean bha làn,
'S a phaisg thu ar muineal ad' ghàirdeanan bàn',
'S a phòg thu le aiteas gach sean agus òg,
'S a dh' fheum sinn a ghealltainn nach bitheamaid ri bròn.

O athair, a mhàthair, a pheathraichean gràidh!
Mo bheannachd a nis leibh gu sìorruidh 's gu bràth,
Is leanaibh an caraaid thug mise as gach càs,
'S gu 'n coinnich sinn far nach teid sgaradh le bàs.

Cha robh thu ach òg ann an saoghal a' bhròin:
Ochd bliadhna 's seachd làithean a fhuair sinn ort còir;
Ach esan 'thug dhuinn thusa nis a thug uainn,
Bheir neart gu bhi strìochdte d'a thoil anns gach uair.

AN DA LEIGHEAS
AGUS

<eng>K. D. C. PILLS<gai>
Leigsidh iad an da Eucail Mhor
CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.
Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.
<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,
New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston,
Mass.<gai>

DH' IARRAMAID AIR NA GAIDHEIL
's air muinntir eile a tha air son <eng>"Typewriter"<gai> a
cheannach, iad a dh' fheuchainn ainm na
<eng>Blickensderfer No. 5,<gai>
mu 'n ceannaich iad seorsa sam bith eile. A phris, \$35.00.

Tha seorsachan eil againn cuideachd.

<eng>CREELMAN BROS, Typewriter Co.,
15 Adelaide St., East,
Toronto, - - ONT.<gai>

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh
thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?
Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN agus BROGAN.
Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn
-'g an creic-
SAOR! SAOR!
SIDNI, C. B.<eng>JOST BROS.<gai> 13 MAIGH, '98.

[Vol. 6. No. 50. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE; 10 IUN, 1898. No. 50.

EACHDRAIDH NAN CAIMBEULACH.

(Air a leantuinn.)

A thaobh 's gu 'n do chaochail Seòras Uilleam, an siathamh Diùc, gun sliochd, thainig a bhrathair,

IAIN DOUGLAS EDWARD HENRY, a stigh air an oighreachd 'na àite, mar an seachdamh Diùc, anns a bhliadhna 1839. Ann an làithean òige ghabh e anns an arm. Bha e anns a' chogadh fo chomand <eng>Sir Ralph Abercromby<gai>, anns an Olaind. An deigh dha tilleadh dhachaidh bha e air a thaghadh mar bhall pàrlamaid an siorrachd Earraghael. Bha e anns a phàrlamaid fichead bliadhna, air a thaghadh bho àm gu àm le muinntir a dhùthcha fein. Bha e pòsda tri uairean; an toiseach ri Ealasaid Chaimbeul, á Fairfield, a chaochail an 1818; a ris ri <eng>Joan Glassel<gai>, a chaochail an 1824; agus an treas uair ri Anna <eng>Colquhoun<gai>, á Ceann-na-Creige. Bha dithis mhac aige bho 'n dara bean: Iain Eanruig, a chaochail 'na sheachd bliadhna deug, agus Seòras Douglas, a rugadh anns a bhliadhna 1823.

Chaochail an seachdamh Diùc anns a bhliadhna 1847, 'na chaistéal fein an Inbher-aoraidh. Thainig a mhac,

SEORAS IAIN DOUGLAS, a stigh 'na àite, mar an ochdamh Diùc Earraghael. Tha e fathast beò slàn, 'na thri fichead bliadhna 's a seachd deug a dh' aois. Phòs e Ealasaid Georgina, nighean an Diùc Sutherlan. Tha da dhuine dheug de theaghlach aca, còignear mhac agus seachdnar nighean. So ainmean a chuid mhac 'us nighean: Iain Seòras Iomhair Eanruig Douglas Sutherlan, Marcus Lathuirn, a tha pòsd' ri nighean na bàn-rìgh, agus a bha 'na Ard-fhear-riaghlaidh an Canada beagan bhliadhnaichean air ais; Gilleasbuig, Ualter, Seoras agus Cailean,—na gillean. Edith, Ealasaid, Victoria, Evelyn, Frances, Màiri agus Constance Harriet—na h-igheanan.

Tha 'n t-ochdamh Diùc 'na dhuine aig am bheil àrd fhoghlum, agus mar an ceudna àrd bhuadhan inntinn. Tha e air a mheas mar aon de phrìomh sgoilearan na rioghachd. Sgrìobh e àireamh de leabhraichean luachmhor, am measg a bheil "Lagh-rioghachaidh," agus iomadh eile. Tha an Diùc mar an ceudna, fad iomadh bliadhna, ann an inbhe aird am pàrlamaid na rioghachd. Bha e ann an iomadh dreuchd chudthromaich an coimh-cheangal ri riaghladh na dùthcha bho 'n thainig e gu fearachas; agus ged tha e 'n diugh a teannadh suas gu maith ris a cheithir fichead, tha e ann an tomhas mor fìor da thaobh, "nach d' fhailnich fathast a shùil, ni mo a threig a neart e." Tha sinn an

dòchas gu 'n teid bliadhnachan seachad fathast mu 'n cluinnear sgeul a bhàis. A measg na nithean math a rinn e o'n thainig e thun na h-oighreachd, tha 'n cùram a ghabh e, 's a tha e gabhail, de 'n eilean ainmeil sin, I Chalum Chille. Thug e fainear na sean-togalaichean a bhi air an caradh 's air an cumail suas, air a chosdas fhein; agus a bhar air sin, tha duine còir, tuigseach aige ga chumail, o bhliadhna gu bliadhna air an eilean, gu bhi 'comharrachadh a mach na sean làraichean, 's gach ni eile, do na miltean luchd-turuis a tha dol as gach cearn de 'n t-saoghal, a dh' fhaicinn an àite. Sgrìobh e mar an ceudna, leabhran beag, taitneach, a toirt min-chunntas mu 'n eilean 's mu gach ni a tha ri fhaicinn ann-na sean ionadan-aoraidh, na clachan-cuimhne, na h-aitean-adhlacaidh, anns a bheil cinn-fheadhna, prionnsachan agus rìghrean, á Alba, á Eirinn agus á Lochlann, air an caradh anns an ùir, a feitheamh na trumpaid dheireannach. Tha, mar so, an Diùc, le 'pheann, 's le 'sporan, a deanamh gu maith 's gu ro-mhaith.

Thuirt sinn mar tha gu 'n robh an t-oighre-Marcus Lathairne-pòsda ri bàna-phrionnsa Liùsaidh, ceathramh nighean na bàna-rìgh. Rugadh am marcus anns a bhliadhna 1845, agus phòs e anns a bhliadhna 1871. Fad cheudan bhliadhna air ais, is ann ri clann rìghrean na Roinn-Eòrpa a bha 'n teaghlach rioghail a pòsadh; agus thug e mor thoileachadh, cha 'n e mhàin do mhuintir Earraghaeil, ach, mar an ceudna, do na Gaidheil anns gach àite, gu 'n deach briseadh air a chleachdadh ud, le bhi pòsadh bana-phrionnsa ri aon de iochdarain na rioghachd, agus gur ann 's a' Ghaeltachd a fhuaradh duine do nighean na bàna-rìgh. Dh' aon so as ùr an teaghlach rioghail agus teaghlach Earraghael ri cheile.

'S e aonadh ri teaghlach rioghail Alba ri linn Raibeart Brus, 'nuair 'thug am Brusach a phiuthar Marjori, do Niall Mac Chailein Mhoir mar mhnaoi, a thug a cheud àrd thogail do 'n chinneadh so. Thug sinn iomradh air so, an toiseach na h-eachdraidh so; agus a nis tha sinn air tighinn gu crìoch ar n-eachdraidh, le bhi toirt iomradh air an aonadh a ghabh àite eadar an teaghlach urramach so agus teaghlach rioghail Bhreatunn, le pòsadh an oighre ri bàna-phrionnsa Liùsaidh.

Do bhrìgh gur e so teaghlach a's sine de na Caimbeulaich, 's e Earraghael Ceann-cinnidh na fine. Ach tha na Caimbeulaich air sgaoileadh a mach nan caochladh mheur, agus aig gach aon diu so tha ceann-tighe dhaibh fhein. Tha cuid de na teaghlaichean so a nise gle aosda, agus airidh air gu'm biodh iomradh air a dheanamh orra ann an eachdraidh na fine. Mur eil an luchd-leughaidh a fàs sgith de'm sgeul, bheir mi dhaibh, le cead an fhir-deasachaidh, iomradh air cuid diu so, anns an àm a tha romhainn, a' tòiseachadh le teaghlach Bhraidalbainn.

LEABHAR NAN CNOC.

Cha 'n eil Gaidheal tuigseach idir ann aig am bheil comas air Gaidhlig a leughadh agus a sgrìobhadh, nach eil fiosrach gu buin do na Ghaidhlig, buaidhean laidir, foghainteach. Nam bitheadh aice cairdean comasach, dichìollach, thogadh i an diugh a ceann co ard,

uasal ris a' Bheurla fein, ged tha mile teanga 'moladh ailleachd 'us greadhnachais na cainnt a tha na Sasunnaich a' labhairt. Is e, da rìreadh, Gaidheal dileas, gasda, tuaireamach, gleusda 'bha anns an Ollamh Mac Leoid. Bha e eolach air gach duine ard 'us iosal, air gach inbhe bhochd 'us bheartach, air gach abhaist beag 'us mor, air gach cleachduinn aosmhor, 'us iongantach, 'us simplidh air am bheil na Gaidheil eolach 'us measail. Is ann da fein, an Gaidheal aluinn, treibhdhireach, a b' aithne Gaidhlig ghlan, eireachdail a labhairt agus a sgrìobhadh, agus mar an ceudna, comhairlean glic agus caoimhneil a thabhairt do na Gaidheal, airson an sonas agus an soirbheachadh fein a chur air aghaidh aig an tigh agus ann an tìrean cein. Neach air bith a's urrainn Gaidhlig bhrioghmhor, bhlasda Mhic Leoid a thuigsinn, is e duine sona 'tha ann, agus faodaidh e 'bhi cinnteach gu bitheadh a' Ghaidhlig urramach, dealbhach, cliuiteach am measg canainean an t-saoghail gu leir, nam bitheadh aice cairdean co inntinneach, co dileas, togarrach ri Caraid nan Gaidheal-Tormod Mac Leoid. Tha MAC-TALLA 's mi fein eolach air moran Gaidheil aig nach robh focal Beurla ann an tus an laithean; agus o'n latha anns an d' fhuair iad soirbheachadh mor no suarach ann an gnothuichean an t-saoghail, chaill

(Air a leantuinn air taobh 396.)

[TD 394]

[Vol. 6. No. 50. p. 2]

SUAICHEANTAS SHIOL DIARMAID AN TUIRC.

Tha i 'na ceist aig sluagh cìod an t-aobhar agus co i an linn anns an d'fhuair na Cambeulaich ceann an tuirc mar shuaicheantas. Tha fios gur nì furasda a' cheist a chur, ach tha lan chinnt againn nach nì cho furasda ceist cho cudthromach fhuasgladh. Ann an "Dàn Dhiarmaid," mar a chithear ann am bàrdachd Oisein, tha a' chuis air a cur mar a leanas,-

"Co chasgras," arsa Fionn, "an torc
A lot ar coin is ar daoine?
Gheibheadh e sgiath chopach is sleagh rìgh,
Is luibhean a dh' iocas a chreuchdan
Is leamsa, Diarmaid, tìodhlac an rìgh
No tuiteam an strìth na beiste."

Tha an t-Ollamh Mac a' Ghobha anns a' cho-chruinneachadh a rinn e de na seann dàna ag ràdh gu'm b' ann o Dhiarmaid so agus o'n torc a mharbh e a fhuair na Caimbeulaich ceann an tuirc mar shuaicheantas, agus gu'm b' ann o'n ghnìomh so a chanar gu tric riu anns na dàinibh "Siol Diarmaid an Tuirc." Is lìonmhor àite ann an Albainn a tha air a chomharrachadh a mach le luchd-eachdraidh mar an t-ionad anns an do chasgair Diarmaid an torc. Anns an leabhar aig Deaghan Liosmoire tha e air a ràdh gu'm b' ann an Ghleann-sìth, an siorramachd Pheairt a chaidh an torc a chasgradh agus tha an t-Ollamh Mac Lachluinn anns a' bheachd cheudna. Ach tha comhdachadh gu mòr nì 's truime againn

gur ann an Siorramachd Earraghaidheal a chaidh an torc air am beil a' bhàrdachd a' deanamh luaidh a chasgradh, agus gu'm b' ann an Lathurna a thuit Diarmaid agus a chaidh a chur anns an ùir, far am beil a charragh-cuimhne fathast ri fhaicinn. Ann an co-chruinneachadh nan seann dàna aig an Ollamh Mac a' Ghobha tha àireamh de dh'àitean ann an Lathurn Uachdrach air an ainmeachadh, agus tha na seann ainmeannan sin a' togail fianuis gu'n robh na Fiantan sar eòlach anns a' chearn sin de'n t-siorramachd agus gu'm beil eachdraidh nan treun-fhear maireannach gu h-urail uaine air chuimhne aig na Lathurnaich gus an latha an diugh. Ann an Gniomharan Comunn Oiseanach nan Lathurnach tha an earrann a leanas, air an còir dhuinn gu sonraichte beachdachadh. Tha a' bhàrdachd a' cur an ceill gu'n robh Diarmaid agus Grainne air an cur anns an ùir aig an aon àm. Tha ainmeannan nan àitean mu thimchioll Loch-nan-eala a' cumail air mhaireann cuimhne na caraid ud gu h-urail buan. Tha an carragh-cuimhne a chithear 'na sheasamh aig Sroin-doilleir, a choir ceann Loch-nan-eala air ainmeachadh Carragh Dhiarmaid agus bha seann sluagh an àite gu h-aonsgeulach a' comharrachadh a mach an àite ud mar an t-ait anns an deachaidh Diarmaid Donn an strith na beiste. Tha an carragh so gun teagamh a' cumail air chuimhne neach àraidh no ni sonraichte a tha anns an àite. Is e ainm baile a tha faisg air so Torr an tuirc agus tha fuaran air a' ghleann fa chomhair ris an cànar Tobar nam bas toll. Tha sgeulachd an tobair agus an t-aobhar air an d' fhuair i an t-ainm air chuimhne aig muinntir Lathurna. Tha e mar a leanas:-

Chasgair Diarmaid an Torc nimhe agus bha maithen na Feinne an lathair. Bha Grainne agus Conan anns a' chuideachd, agus bha gach neach aoibhneach ach Conan agus e an gaol a chridhe air Grainne. B' ann airsan a bhitheadh an solas nam b' e Diarmaid a bha marbh agus an torc ag imeachd an t-sleibh. Tha a' bhàrdachd ag ràdh:-

"Tha 'n laoch a tarruing a bhuille;
Tha 'n t-sleagh am muineal na beiste;
A chlaidheamh a charaid ri gabhadh."

Tha a roinn ga shathadh an coluinn an tuirc agus Conan ag ràdh:-

"Tomhais e le troighibh rùisgte
Is iognadh leam fein a mheudachd,
Thomhais Diarmaid an torc
Gu socair 's cha d'fhuiling beud uaith,
Tomhais e an aghaidh na cuilge
A's gheibh thu, a laoich bhuirb, gach seud.
Cha bu nos le Diarmaid eagal,
Fhreagair e a rìs guth Chonain,
Ach calg an tuirc mar shleaghan geura
Reub a shail le mile lot,
Tha fhuil a' ruith gun luibh ga casgadh
'S an laoch gasda mar chrann ag aomadh."

Bha Diarmaid air aomadh agus e a' call fola; a bheatha a' sileadh uaith, agus am pathadh ga sharachadh. Bha a chairdean a' giulan uisge thuige ann am basan an làmh. Bha Conan, mar chach, nam b'

fhior, agus e le thoil a' leigeil ruith leis an uisge; deur cha bhitheadh 'na bhasan nuair a ruigeadh e an ceatharnach leonta. Is e thuirt Diarmaid ris agus e ga chràdh, "Is cinnteach gur ann an Tobar nam bas toll a tha thu a' toirt an uisge." Bho sin gus an so lean an t-ainm air an Tobar. Tha an tobar ri fhaicinn ann an Gleann nam fuath, agus 'na choir sin tha e air a ràdh nach do chinn feirnein air leaba na beiste. Is e Duneideann ainm a chnuic as an do dhùisg iad an torc, agus cha'n fhada an t-astar eadar sin agus Tobar nam bas toll. Tha e ro choltach gu'm b'ann eadar an dà àite ud a bha an ruaig m'an do bhuaileadh buille. Air an dara taobh de Dhuneideann tha Sroin Chormag agus air an taobh eile tha Allt ath Chormag, agus bu nighean do Chormag, Grainne. Tha Tom seilg air a' bhruthach os ceann Tobar nam bas toil agus tha e coltach gu leòir gu'm b' ann o'n t-seilg so a lean an t-ainm air an tom. Cha'n ann gun aobhar a tha cho lion àite mu thimchioll Tor an tuirc a' giulan ainm sluagh na Feinne. Faodar a bhi cinnteach nach ann a thaobh tuiteamais a thachair e, ach gu'n robh aobhar sònraichte air na h-ainmeannan a bhi anns na h-àiteachan ud. Ma dh' fhaodar earbsa a chur am beul-aithris faodar a chreidsinn gu'm b' anns an àite ud a thàinig a' chrìoch air Diarmad, agus gu'm b' ann aig a' charragh a chaidh a chur anns an uir. Tha lan chinnt nach do chaochail Diarmaid ach ann an aon àite, agus cha chomasach gu'm beil e ann an dà àite air a chur anns an uir. Air an aobhar sin feumaidh luchd-eachdraidh na h-airde an ear, a tho cho fiosrach air eachdraidh nan Gaidheal, Diarmaid agus torc fhaighinn an riochd agus am measg sluagh nam Picts a fhreagras do Ghleann-sith aca-fein; oir Diarmaid Donn na Feinne cha toir iad a chaoidh à Lathurna. Cha'n aithne domh aobhar fo 'n ghrein a thug do na Caimbeulaich ceann an tuirc a mharbh Diarmaid a thogail leo agus a chur 'nam brataich agus 'nan armachd mar shuaicheantas. As barr cha'n 'eil facal anns a' bhàrdachd a' cur an ceill gu'n deachaidh an ceann a chur de'n torc a mharbh Diarmaid. Bha e 'na shineadh air an raon nuair a thomhais Diarmaid e le troighean rùisgte. Chaidh e fein a lot, agus chaill e a bheatha, agus gun chomas aige air ceann an tuirc a ghiulan leis, ged a chuireadh e dheth. Bu chall trom do fheachd na Feinne bàs Dhiarmaid, agus e an trein a neart. Cha b' aobhar gairdeachais a bhàs ach a mhàin do Chonan. Bha suaicheantasan o chian air an gleidheadh le daoine mar chuimhneachan air treuntas a rinneadh le fear de an cinneach. Nam bitheadh beatha bhuan aig Diarmaid an deidh a' chasgraidh bha lan choir aige fein agus aig a shliochd air an t-suaicheantas a rinn e fein a chosnadh. Cha bu chuis uaille le Clann Diarmaid an casgradh, agus air an aobhar sin cha do ghleidh iad carragh-cuimhne air an àite anns am beil Diarmaid air a chur anns an uir. Nam bu Chaimbeulach a bu treun-laoch anns a' chasgradh bu choir gun teagamh gu'm bitheadh aig a shliochd an suaicheantas; ach cliu treuntas Dhiarmaid bhitheadh sin aig Clann Diarmaid agus cha'n ann aig na Caimbeulaich. Is i mo bheachd nach ruigear a leis dol air ais gu linn cho cian a chum suaicheantas a thogail do na Caimbeulaich agus cliu na gaisge a bhuineas do'n ghniomh a thoirt do fhear dhiubh fein. A bharr air sin, cha'n 'eil e comasach a dheanamh a mach gu'm b' ann o Dhiarmad na Feinne a shiollaich na Caimbeulaich, ged is sean an ainm agus ged is lionmhor an àireamh. Co 'nar measg nach cuala iomradh air Donnachadh an àigh? Ma dh' fhaodar earbsa a chur ann am facal a chualas o bheul-aithris b' e Donnachach an aigh an curaidh a

choisinn do na Caimbeulaich ceann an tuirc mar shuaicheantas, agus cha do chaill e a bheatha aig àm a' chasgraidh mar thachar do Dhiarmaid Donn. Is ann a bha an casgradh da-san 'na ghnìomh an aigh oir bu ann do a thaobh a dh' eirich e gu ionad ard agus gu urram ann an seirbheis an Rìgh. Bha Donnachadh an aigh de theaghlach a' Bharain Duibh. Bu mhac e do Ghilleasbuig Mac Cailein. Cho fad agus is comasach a dheanamh a mach b' ann ri linn Rìgh Seumas III, a bha Cailean 'na Bharan air Loch-odha. B' e Donnachadh am mac a b' òige de an teaghlach. Bha e 'na òigear flathail, suairce, foinnimh fearail. Bha na h-uaislean an geall air a chuideachd anns gach àite anns an robh e eòlach. Bhitheadh e gu tric air aoidheachd ann an Caisteal na Caraige, air taobh Loch Goill.

[TD 395]

[Vol. 6. No. 50. p. 3]

Bu Chaimbeulach a bha 'na chauptin air a' chaisteal aig an àm ud agus fad iomadh linn an deidh sin. Bha Ban-tighearna na Caraige òg, eireachdail, agus i gu meanbh, malda. Cha d'fhàg na Sgeulachdan fios againn air dreach, no aogasg, no aois a' chauptin, ach tha fios gu'n do thuit a bhean agus Donnachadh an trom ghaol air a cheile gun fhios, gun amharus do'n Chauptin. Is e a rinn iad teicheadh gu h-uaigneach agus an Caisteal fhagail, agus re h-uine cha robh brath no fios ciod a dh'eirich do na fogarraich. B' e a rinn iad an cairtealan a ghabhail car tamuil ann an uaimh ann am Beinn Laomuinn gun aca de chuideachd ach aon ghille. An deidh aireamh mhiosan a chur seachad anns an uaimh bha sproc agus iomaguin air-san mu shlàinte na mna-USAÌL anns an fhardaich fhuair far an robh iad. Bha iondrainn air gach greadhnachas agus gach comhfhurtachd a dh'fhàg i 'na deidh ach bha dorsan a' Chaisteal air an crannadh gu siorruidh oirre. Bha an iomaguin a' tighinn eadar Donnachadh agus cadal na h-oidhche, agus bha e ullamh, air cho cunnertach agus gu'm bitheadh e, gu seol a dheanamh a chum fardach fhaighinn dith-se. Bha Rìgh Seumas anns an àm ud a còmhnuidh ann an Caisteal Shruidhleadh agus bha gu tric a theachdairean air an t-slighe eadar sin agus Duneideann. Bha na h-eich aca gu tric air an leon agus air am milleadh le torc nimhe a bha a' tuineachadh ann an coille ris an can iad anns a' Bheurla Torwood. Chaidh daoine a mharbhadh agus mòran a leon, agus bha an torc 'na chulaidh eagail do gach neach a bha a' gabhail an rathaid sin. Is e a bha ann gu'n deachaidh eigheach leis an Rìgh mar a leanas: "Gach fogarrach agus gach neach a tha fo bhinn, thugadh iad fainear, co air bith fear dhiubh a mharbhas an torc a' tha a' tuineachadh ann an Torwood, agus a bheir a cheann do Shruidhleadh, tha a shaorsa air a h-aiseag air ais da air cho trom agus gu'm beil a chionta." Chuala Donnachadh luaidh an Eigheach an Rìgh, agus bhuail e 'na inntinn gu'n robh a nis dòigh aige air staid an fhogarraich fhàgail agus tilleadh gu staid na comhfhurtachd agus na saorsa. Chaidh e-fein agus a ghille 'nan uidheam agus 'nan eideadh. Ghabh iad an cead do'n mhnaoi-USAÌL anns an uaimh, agus ghabh iad gach ath-ghoirid gus an do ràinig iad Tor an tuirc (Torwood). Cha robh de dh'armachd aca ach an claidheamhan dileas a chum an dìon o bheud. Nuair a ràinig iad braigh Ghlinn Uaignich, faisg air an àite

anns am beil a nis Feill na h-Eaglaise Bric air a cumail, dhealaich iad ri cheile; ach mu'n do dhealaich thug Donnachadh ordugh do a ghille mar a leanas; "Gabhaidh tu-sa sios air taobh tuath a' ghlinne agus gabhaidh mise sios mu do choinnime air an taobh deas. Nuair a bhithas sinn mu mheadhon a' ghlinn, mur faic sinn a' bheist gus an sin ni thu-sa nuallanaich a chum a dhusgadh a thoirt ad ionnsuidh. Nuair a chi mi-se e fagus dut ni mi-se nuallanaich a chum a thoirt air ais; air na dòigh so ni sinn a chlaoidh mu an toir sinn oidheirp air cur as da." Rinn iad mar sin, agus air do'n bheist a bhi air a chlaoidh a' direadh agus a'teirneadh a'bhruthaich bha e uair de na h-uaireannan a' dluthachadh air Donnachadh, agus mar thuirt Oisein:-

"Ceum an tuirc a' fas na's moile,
'S Concobhar feadh nan roidibh;
A thartar mar thuinn a sleachdadh sgeire,
No mar sgarnaich leis an doire."

Bha Donnachadh 'ga feitheamh agus e a' dluthachadh air. Bha a chlaidheamh 'na làimh chli agus doirneag de chloich chruinn 'na làimh dheis. Thilg e an doirneag an an craos an tuirc a chur bacaidh air. Le so chuir e á comas na beiste milleadh a dheanamh. Le aon bhuille de'n chlaidheamh chuir Donnachadh an ceann de an torc, agus thog e fein agus a ghille orra do Shruidhleadh agus an ceann aca air an giulan, mar dhearbhadh air an treun ghnìomh. Is ann o'n ghnìomh euchdach so, ma ta, tha mise an lan bheachd, a fhuair na Caimbeulaich ceann an tuirc mar shuaicheantas. Chaidh fàilte agus furan a chur air Donnachadh nuair a ràinig iad Sruidhleadh, agus nuair a dh'fhiosraich an Rìgh an teaghlach urramach o'n d' thàinig e chaidh dreuchd a thoirt da anns an do choisinn e mòr chliu. An deidh da bhi greis a dh' uine an Sruidhleadh agus e fo mhòr urram chaidh a chur do'n Roimh mar Theachdaire o Chuir na h-Alba. Bha e fo ard mheas agus dh'eirich buaidh leis anns gach ni. Cha do thill e air ais do h-Albainn tuilleadh r'a bheò. Thàinig a' chrìoch air fein agus air mhnaoi anns an Roimh, ged a thàinig cha deachaidh an ainm air dhi-chuimhne. Chaidh na dealbhan aca a dheanamh de chloich agus an toirt as an Roimh do h-Albainn agus tha iad fathast far am faodar am faicinn, agus iad anns an aon seomar anns am beil cuirp nan diuc agus nam ban-diuc an Cladh Chille-Munna. Ri amharc air an dealbh cha'n abairteadh gu'm bu duine treun air cùl claidheamh Donnachadh. Cha'n 'eil e ach còig troighean agus naoidh oirlich air airde. Tha e 'na shìneadh air a dhruim an taobh cùl an t-seomair. Tha an torc-nimhe mar chluasaig fo a cheann, agus an craos an tuirc tha cnap de chloich chruinn. Tha claidheamh Dhonnachaidh 'na làimh chli, agus ri bonnaibh a chasan leoghan mu mheadhadh an tuirc. Tha Donnachadh air a sgeadachadh le clogaid, agus le luireach mhailich a sios gu a bhrògan. Nuair a choimeasar dealbh Dhonnachaidh ri Diarmaid le a throighean rùisgte agus e a' tomhas an tuirc a mharbh e fein, cha chomasach gu'm bu ann o'n dara dealbh a chaidh an dealbh eile a thogail. Tha a' bhean 'na sìneadh ri taobh Dhonnachaidh air a làimh dhèis, agus i air a sgeadachadh ann an trusgan preasach. So mar fhuaradh o bheul aithris sgeulachd Dhonnachaidh an aigh, agus mar fhuair na Caimbeulaich mar shuaicheantas ceann an tuirc.-COIRE AN T-SITH, anns a' Ghaidheal Albannach.

SGEULACHDAN ARABIANACH.

Na Tri Ubhlan.

CAIB. IV.

An uair a chuir an t-ard-chomhairleach an tairgse chaoimhneil agus mhath so fa chomhair Nuredin leig e e-fhein 'na shineadh aig a chasan, agus air dha aideachadh gu'n robh e anabarrach aoibhneach agus taingeil air son a chaoimhneis dha, thuirt e ris gu'n robh e deonach ni sam bith a chuireadh e m' a choinneamh a dheanamh.

An uair a chual' an t-ard-chomhairleach so, thug e ordugh do stiubhartan a thaighe an talla mor a chur an ordugh, agus gach ulluchadh feumail a dheanamh air son na bainnse. 'Na dheigh so thug e cuireadh do dh'uaislean na cuirte agus a' bhaile gu tighinn thun na bainnse. (Anns an am dh'innis Nuredin dha co e.) An uair a thainig ard-uaislean a' bhaile, smaoinich e gu'm bu choir dha bruidhinn riutha mu'n chuis, air eagal gu'm biodh eud air na daoine do'n do dhiult e a nighean. Thuirt e riutha mar so:—"Mo thighearnan, tha mi nis a' dol a dh' innseadh dhiubh ni a chum mi an cleith gus a so. Tha brathair agam a tha 'na ard-chomhairleach do righ na h-Eiphit mar a tha mi fhein aig righ na rioghachd so. Cha'n 'eil aig mo bhrathair ach an aon mhac, agus o nach robh toil aige a mhac a phosadh ri te de mhnathan uaisle na h-Eiphit, chuir e an so e gus mo nighean-sa 'phosadh, a chum gu 'm biodh an da theaghlach air an tarruinn na's dluithe ri' cheile. So agaibh an duine og a tha gus mo nighean a phosadh. Dh' aithnich mi gu'm b'e mac mo bhrathair cho luath 's a chunnaic mi e. Tha mi'n dochas gu'm fan sibh an diugh aig a bhanaid."

Cha robh ioghnadh sam bith air na h-uaislean a chionn gu'n do roghnaich an t-ard-chomhairleach mac a bhrathar air thoiseach air a h-aon eile dhe na tairgseachan matha a fhuair a nighean, agus an aite diumbadh a bhith aca ris air son mar a bha e 'deanamh, is ann a thuirt iad ris gu'm biodh iad gle dheonach a bhith aig a' bhanaid. Agus ghuidh iad gu'n tugadh Dia saoghal fada dha, a chum gu'n biodh toileachadh aige ann an co-cheangal ri posadh a nighinn.

Chruinnich uaislean na cuirte thun na bainnse an uair a thainig am feasgar, agus shuidh iad aig an dinneir. An deigh dhaibh a bhith uine mhath aig a' bhord, chuireadh measan dhe gach seorsa, an cursa mu dheireadh, 'nan lathair, agus ghabh iad na thainig riutha dheth. An sin thainig na sgrìobhadairean a steach, agus an uair a sgrìobh iad cumhnantan a' phosaidh, chuir na h-ard-uaislean an ainm ris mar fhianuisean.

An uair a bha gach ni seachad, thug an t-ard-chomhairleach ordugh do na seirbhisich an soitheach-faragaidh a bhith deiseil aca, a chum gu'm faraigeadh Nuredin e fhein. Fhuaradh aodaichean-cuim deiseil agus gach ni eile a bhiodh feumail dha.

An uair a nigh 's a thiormaich e e-fhein,

(Air a leantuinn air taobh 398.)

[TD 396]

[Vol. 6. No. 50. p. 4]

(Air a leantuinn o thaobh 393.)

iad gach eolas a bha riadh aca air cainnt an athraichean. Dh' fhag a' Ghaidhlig iad gu buileach. Is gnath doibh a bhi 'g radh, "Chaill mi mo Ghaidhlig!" Ma chaill iad an Gaidhlig, tha e co cinnteach ri solus an latha nach do chaill a' Ghaidhlig iadsan; oir tha, agus bithidh, gu crìoch an laithean, blas an fhraoich agus nan cnoc, agus comharradh na Gaidhlig air an teanga 's air an seanachas, gach latha. Is iomadh naigheachd iongantach a tha air innseadh mu dheibhinn Gaidheil a chaill ann an uine ghearr agus air doigh ghaireach, gach comas a bha roimhe aca air Gaidhlig a thuigsinn agus a labhairt. Tha mo chuimhne gle shoilleir air sgeula 'chualadh mi mo dheibhinn caileig a bha 'na searbhanta car uine anns a' Ghalltachd. B' abhaist, agus is abhaist, ma dh' fhaidte, fathast do chaileagan Gaidhealach, dol a dh' ionnsuidh na Galldachd airson cosnadh fhaotainn am measg nan Gall. Gu tric is e rùn suidhichte nan caileagan ud, Beurla gharbh, bhlabhdach nan Gall ionnsachadh, agus an culthaobh a thionndadh air cainnt nan Gaidheal, agus air abhaistean na Gaidhealtachd. Thainig aon de na mnathan òga so dachaidh, do na Ghaidhealtachd. Bha e 'na beachd innseadh d'a caraid, gu do chuir bo a h-adharc ann an suil a h-athar. Is e 'thubhairt i: "Chuir an <eng>coo<gai> a <eng>horn<gai> ann an suil m' athar."

Tha dochas laidir agam gu faigh mi cothrom ann am beagan ùine air eachdraidh ghoirid a thabhairt ann am MAC-TALLA, air Iain Og Ile, - Gaidheal co uasal, foghlumte, oirdheirc, 's a chunnaic an linn anns am bheil sinn a lathair. Is e 'chuir ri cheile Leabhar na Feinne, 's Sgeulachdan na Gaidhealtachd. Am feadh a bha e air a thurus am measg nan Gaidheal airson eolas 'fhaotainn air gach dàn, 'us sgeula, 's comhradh a bha aca, thachair e air duine tuigseach, tapaidh, air an robh eolas agam. Ann an labhairt na Gaidhlig, bha 'n duine, so gun tamh a' toirt focail Bheurla a stigh do 'n sheanachas Ghaidhlig a bha aige ris a' Chaimbeulach aluinn, Iain Og Ile. "Is eiginn," arsa Iain Og ris, "gu bheil Beurla anabarrach bhlasda 's chiatach agad, oir, cha 'n urrainn duit focal no dha 'labhairt ann an Gaidhlig gun focal Bheurla 'bhi agad mar an ceudna." Nach anabarrach diblidh, truagh, a dh' imireas Gaidheal a bhith a tha muladach gur Gaidheal idir a tha ann, agus a tha deanamh amadain bochd de fein, ann a bhi 'g aicheadh gur Gaidheal a tha ann, agus ann a bhi 'feuchainn air Sasunnach no Frangach a' dheanamh de fein.

Cha 'n e an t-Ollamh Mac Leoid e fein, a sgrìobh gach naigheachd 'us bardachd a tha ann an Leabhar nan Cnoc. Is e fein a sgrìobh, "Long mhor nan Eilthreach; no, nan Gaidheal a bha 'fagail an dùthcha fein, agus a' dol gu tir eile." Leis na bataichean-smuide 'tha 'nis

a' dol gu siubhlach thar a' chuain mhoir, leis gach tearuinteachd 'us comhfhurtachd a tha aca, tha di-chuimhne air a dheanamh air gach deuchainn 'us cruadail a bha aig na h-Eilthirich Ghaidhealach an uair a chaidh Leabhar nan Cnoc a sgrìobhadh. Anns na laithean ud is e longan goirid, cumhann anns an robh na h-Eilthirich air an cur gu dluth ri cheile, gun aileadh fallain, gun chomhfhurtachd iomchuidh, gun farsuingeachd beag no mor anns an long. B' abhaist do na longan leisg so, a bhi seachd, 'us ochd, 'us naoi mìosan a triall thar a' chuain, gus an d' rainig iad America. Is ann aig ceann mu thuath Mhuile, ann an acarsaid a bha tearuinte bho gach stoirm 'us gaillion, a bha Long mhor nan Eilthireach air am bheil iomradh co boidheach, tiamhaidh, druighteach againn ann an Leabhar nan Cnoc. Tha e air innseadh dhuinn ann an cainnt bhlasda, mhuladach, gu robh anns an long so sean duine dall a chaidh air bord le 'nighean agus le 'oghachan fein. Bha iadsan a' dol thar a' chuain gu h-America. Bha esan, an sean duine dall, a' dol a dh' fhanuinn gu crìoch a' chuairt air an talamh ann an tìr an fhraoich anns an d' rugadh e. Tuigidh sinn gle fhurasda cia co tuirseach, bronach 'sa bha an sean duine dall, liath so, agus a nighean agus a chlann, ann an àm an dealachaidh a bha 'nis ann. Tha 'n duine aosmhor ag radh: "Tillidh mise an nochd do 'n ghleann ud thall, ach cha 'n aithnich mi an lamh a tha 'g am threorachadh; cha tig sibhse, a' leanaba mo ghraidh, a mach an coinneamh an t-sean duine. Cha chluinn mi tuillidh briagail 'm beoil ri taobh na h-aibhne, 's cha ghlaodh mi tuillidh, ged nach bu leir dhomh an cunnart, 'Fuirichibh air 'ur n-ais o'n t-sruth.' Co a nis a stiuras mi gu fàsadh 'n tuim, 's a leughas dhomh an leabhar naomha? C'ait an ath-oidhche, 'nuair a theid a' ghrian fodha, am bi sibhse, a chlann mo ruin? agus co a thogas leamsa laoidh an anmoich? Am bheil thu so, a Mhairi? C'ait am bheil do lamh? Thig ni 's dluithe dhomh? M' fheudail thu do mhnaibh an domhain, is solasach leam do ghuth! Tha thu 'dealachadh rium! Falbh! tha mo lan chead agad! Tha beannachd do Dhe agad!" Briathran a's boidhche, no 's snasmhoire, no 's durachdaiche na iadsan, cha 'n aithne dhomhsa ann an canain air bith.

Tha, ann an Long mhor nan Eilthireach, iomradh bronach air a dheanamh air minister urramach, le 'cheann liath, a thainig as an Earradh, chum beannachd fhagail le Eilthirich a bha roimhe so 'tuineachadh anns an sgìreachd aige fein anns an Earradh no eilean an Earraidh. Bha cridheachan nan Eilthireach gle thiamhaidh, dhuachni, agus bha moran iomaguin orra mu dheibhinn gach trioblaid 'us cruadail a bha 'feitheamh, ma dh' fhaoidte orra, air taobh thall a' chuain stuadaich, bheucaich. Is briagha, da rìreadh, a chomhairle 'thug am ministear tuigseach, crabhach orra, an dochas a chur gu daingeann, seasmhach ann an Dia. Cha 'n urrainn Canada gu brath meas iomchuidh a chur air ainm 'us cuimhne nan Eilthireach ud, a thug leotha bho thir an dùthchais, urram mor air nithean diadhaidh 'us crabhach, agus a ghearr sios le gairdean reachdmhor, coilltean 'us frithean Chanada.

CONA.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh,
eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus
Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha
Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu
'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla,
<eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile
air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic
gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
MA tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

[TD 397]

[Vol. 6. No. 50. p. 5]

LITIR GU AR CAIRDEAN.

Tha MAC-TALLA a nise beagan a barrachd air sia bliadhna dh'aois;
thainig a' cheud aireamh dheth a mach air an 28mh latha de'n Mhaigh,
1892. Tha e tighinn a mach gu riaghailteach uaithe sin, agus fhuair
e lan di-bheatha ann an iomadh mìle dachaidh anns am bheil a' Gailig
air a labhairt. Rinn e toiseachadh gle bheag, ach o'n thainig e mach
an toiseach chaidh a mheudachadh da uair-ann an 1893, agus a rithist

ann an 1896. Tha na sgoilearan Gailig a's fhearr 's a's comasaiche a tha ri 'm faotainn a' sgrìobhadh ann o am gu am, agus a bharrachd air sin, tha sinn gu tric a' toirt seachad cuibhrionn thaghte de sgrìobhaidhean nan sar sgoilearan Gailig nach maireann. Tha sinn a' smaoinichadh gu faod sinn a radh le firinn gu bheil MAC-TALLA 'na dheagh phaipeir teaghlaich, a' toirt seachad naigheachdan, eachdraidh, sgeulachdan, bardachd agus leughadh eile nach urrainn ach a bhi taitneach do luchd-leughaidh Gailig. Is e an aon phaipear a th'ann an diugh a tha air a chlo-bhualadh gu h-iomlan an Gailig, agus 'se a' cheud phaipear seachdaineil a chuireadh a mach anns a' chainnt san riamh. Chaidh paipearan eile chur a mach anns an robh pairt Ghailig agus pairt Bheurla, ach is Gailig gu h-iomlan MAC-TALLA, AGUS LEANAIDH E AIR A BHI MAR SIN. Agus a chionn gur e an aon phaipear Gailig a tha ri fhaotainn, bu choir gach fìor Ghaidheal cuideachadh leis. Tha a Ghailig a sior fhas measail aig na foghlumaichean a's fhearr a tha 'n diugh beo; tha gramairean Gailig agus oraidean ionnsaichte mu'n Ghailig air an sgrìobhadh le oilearan mora anns a' Ghearmailt 's ann an dutchannan cein eile. Carson a dheanamaide, na Gaidheil, d'an canain i, a leigeil air diochuimhn? Tha h-uile reusan againn air a bhi deanamh uail aise, agus bu choir dhuinn a h-altrun gu curamach mar an oighreachd a's luachmhoire a dh' fhadh againn le ar n-athraichean. Agus cha'n eil doigh air an fhearr is urrainn dhuinn a cumail suas na le bhi toirt gach cuideachadh a dh'fhaodas sinn do phaipeir Gailig mar a tha MAC-TALLA.

Cha'n eil sinn ag iarraidh air neach sam bith gibht a thoirt dhuinn- agus cha'n eil duil againn ri nithean dhe'n t-seorsa sin, ged bu taitneach ri 'm faighinn iad. Cha'n eil sinn ag iarraidh air ar leughadairean ach iad a dheanamh an cuid fhein mar dhaoine coltach ri'n athraichean, agus ni sinne an corr. Thoir thusa, 'charaid, an aire gu'm bi pris a phaipeir air a phaigheadh agad daonnan romh laimh, agus theid sinne 'n urras gu faigh thu paipear math agus airidh air a leughadh. Tha romhainn, toiseach an ath mhios, am MAC-TAI,LA a mheudachadh. Tha sinn a' faighinn inneal ur clo-bhualaidh, leis an teid againn air a chur a mach ann an dreach na's fhearr na bha e riamh, agus tha sgrìobhadairean matha gu bhi toirt seachad ann gach seachdain, nithean nuadha agus sean, sgeulachdan, eachdraidh bardachd, agus leughadh eile, a bharrachd air naigheachdan an t-soghail gu leir. Faodar a thuigsinn nach gabh gach ni dheth sin deanamh gun a dhol fo mhoran cosdais, agus air an aobhar sin, feumaidh sinn iarraidh air ar luchd-leughaidh ar cuideachadh le bhi math gu paigheadh. Cuiridh sinn feum air a h-uile sgillinn airgeid a bhios 'nar comas fhaotainn eadar so agus deireadh a mhios, agus tha dochas againn gu'n dean a h-uile h-aon de'n luchd-gabhail na tha aca ri phaigheadh a chur ugainn. Tha aireamh cheudan do 'n coir paigheadh toiseach an ath mhios air son na bliadhna s'a tighinn; tha aireamh cheudan eile nach do phaigh air son na bliadhna s'a chaidh, agus tha aireamh nach beag nach do phaigh o chionn a dha no tir bhliadhnaichean. Ma tha e idir comasach, tha sinn air son cluinntinn o gach aon dhiubh. Ma tha thusa dhe 'n aireamh, a leughadair, tha suil againn ri litir (anns am bi air a chuid a's lugha dolar) fhaotainn uatsa; feuch nach meall thu oirnn. Ma tha thu paighte, cha'n eil gnothuch sam bith aig so riut, agus cha chuir thu suim sam

bith ann, ach mur eil, na cuir dail sam bith anns a' chuis, ach dean an t-airgead a chur air adhart gun dail. A chum sin a dheanamh furasda dhut, tha paipear agus cuibhrig litreach air am fileadh am broinn na h-aireamh so. Bidh ainm gach neach a phaigheas air a chur anns a' phaipear mar is abhaist. Biodh gach litir air a seoladh gu

<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

Tha an t-Urr. Uilleam Calder, le 'theaghlach a' cur seachad an t-samhraidh anns a' bhaile, anns an tigh a b'abhaist a bhi aig a' Choirneal Biscoe. Tha an tigh air ùr-charadh, agus tha e 'na aite-còmhnuidh cho taitneach 'sa tha 'san dùthaich. Tha Mr. Calder a' searmonachadh aig Aiseag Mhira agus an Catalone mar a b'abhaist.

Tha Mr. M. C. Camaran air a thaghadh leis an Ard-riaghladh gu bhi 'na Riaghladair air an Iar-Thuath. Bha e roimhe so a' suidhe anns an ard-pharlamaid, air son siorrachd Huron an Iar. Tha a nise da fhior Ghàidheal 'nan Riaghladairean ann an Canada-an Camaranach anns an Iar-Thuath, agus Mac Aonghais, duine mhuinntir an eilean so fhein, ann an Columbia Bhreatunnach.

Bhaochail fear Aonghas Domhnullach ann a' Halifacs o chionn seachdain no dha air ais, a' fagail ochd fichead us deich mìle dolair de dh' airgead. Bhuineadh e do Cheap Breatunn, agus bha e mu cheithir fichead bliadhna dh'aois. Bha stor beag aige anns a' bhaile, agus bha e a' cumail beòlaind gle bhochd ris fhéin fhad 's bu bheò e. Cha robh duine 'fuireach còmhla ris.

Chaidh fear Manus Mac Gilleain a mharbhadh ann am <eng>Port Hawkesbury,<gai> seachdain gus an Diciadain s'a chaidh. Bha e fhéin agus àireamh dhaoin' eile ag obair air an rathad mhor, agus air dhaibh a bhi cladhach a stigh an taobh bruaich thuit i orra, agus bha esan air a ghrad mharbhadh. Bha fear Domhnull Mac-an-t-Saoir air a dhroch leònadh aig an aon àm. Bha Mac Gilleain 'na dhuine gle mheasail.

[Dealbh]
<eng>THE WANZER LAMP.<gai>

Cumaidh i solus riut.
Goilidh i 'n coire dhut.
Bruichidh i 'm biadh dhut.
Tairnidh i 'n ti dhut.

Cha chosg i uiread olla ri lamp' eile, agus ni i solus moran na 's fhearr. Gheibh thu ri ceannach i aig

CAIPT. RUAIRIDH MAC NEILL,
Sidni, C. B.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh thu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an
deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth
air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann
am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

[TD 398]

[Vol. 6. No. 50. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 395.)

bha e 'dol a chur uime an aodaich a bha uime roimhe, ach thugadh d'a
ionnsuidh deise a bha anabarrach riomhach.

An uair a chuir e uime an deise so, chaidh e far an robh 'athair-
cheile. Agus an uair a chunnaic 'athair-ceile cho maiseach 's cho
tlachdmhor 's a bha e 'na choltas, bha e anabarrach toilichte. Thug
e air suidhe ri' thaobh, agus thuirt e, "A mhic, dh'innis thu dhomh
co thu, agus an suidheachadh anns an robh thu ann an cuirt na h-
Eiphit. Dh' innis thu dhomh mar an ceudna gu'n d' thainig ni eiginn
eadar thu fhein 's do bhrathair a thug ort tir de dhuthchais
fhagail. Bu mhath leam gu'n leigeadh tu ris d'inntinn dhomh gu saor,
agus gu'n innseadh tu dhomh ciod a b' aobhar gu'n deachaidh tu fhein
's do bhrathair thar a cheile; oir cha'n 'eil a nis aobhar sam bith
agad air teagamh a chur annam, no air ni sam bith a chumail an
cleith orm."

Dh' innis Nuredin dha a h-uile car mar a chaidh e fhein 's a
bhrathair thar a cheile. An uair a chual' an t-ard-chomhairleach mu
na thainig eatorra, rinn e lascan gaire, agus thuirt e, "Is e so rud
cho neonach 's a chuala mi riamh; am bheil e comasach, a mhic, gu 'n
deachaidh sibh thar a cheile mu thimchioll posaidh nach do thachair

aig an am? Tha mi doilich gu'n deachaidh tu fhein 's do bhrathair aimhreit air son ni cho suarach. Ach cha robh e ceart dhasan fearg a bhith air riutsa 's gun thu deanamh ach mar mhagadh. Bu choir dhomhsa, air a shon sin, a bhith taingeil gu'n deachaidh sibh aimhreit o'n a fhuair mi mac air a shailleamh. Ach tha e nis air fas anamoch, agus tha'n t-am agad a dhol a laidhe. Tha do bhean 'g ad fheitheamh anns an leabaidh. Am maireach bheir mi an lathair an righ thu, agus tha mi 'n dochas gu'n toir e urram dhut air a leithid a dhoigh 's gu'm bi sinn le cheile riaraichte."

Dh'fhag Nuredin oidhche mhath aig 'athair ceile, agus chaidh e do'n t-seomar anns an robh 'bhean.

Tha e anabarraich comharraichte, arsa Giafar, gu'n do phos Shemsedin ann an Cairo, air a' cheart latha air an do phos a bhrathair, Nuredin ann am Balsora. So mar a thachair:-

An deigh do Nuredin falbh a Cairo, le run nach tilleadh e gu brath tuilleadh, bha Shemsedin, a bhrathair, a dh' fhalbh a shealgair eachd an cuideachd an righ, mios gun tilleadh air ais; oir bha'n righ ro dheidheil air sealgair eachd, agus bu tric leis a bhith uine mhor anns a' bheinn sheilg. An uair a thill Shemsedin dhachaidh, ghrad chaidh e do sheomar a bhrathar an duil gu'n robh e ann roimhe. Ach ghabh e iognadh mor an uair a dh'innseadh dha gu'n d' fhalbh a bhrathair o'n taigh air a' chearc latha air an d'fhalbh e fhein do'n bheinn sheilg comhladh ris an righ, agus nach cualas guth no iomradh m' a dheidhinn, ged a thuirte e an latha dh'fhalbh e, gu'n tilleadh e air ais an ceann a dha no tri laithean

Chuir so dragh mor air Shemsedin, gu h-araidh a chionn gu'n robh e 'creidsinn gur e na bhriathran searbh a labhair e ri' bhrathair a thug air cul a chur ri tir a dhuthchais. Chuir e teachdaire air a thoir gu ruige Damascus agus Alepo, ach bha Nuredin 's an am ann am Balsora.

An uair a thill an teachdaire 's gu'n sgeul aige air Nuredin, bha duil aig Shemsedin forofhais a dheanamh m' a dheidhinn ann an aiteachan eile. Ach anns an am bha e 'smaoineachadh air posadh, agus ann uine ghoirid 'na dheigh sin, phos e nighean fir dhe na tighearnan a bh' ann an Cairo. Thachair dha posadh air a' cheart latha air an do phos a bhrathair nighean an ard-chomhairlich ann am Balsora.

Cha b'e so uile mar a bha; ach thachair air a' cheart latha air an d' rugadh nighean do Shemsedin ann an Cairo, gu'n rugadh mac do Nuredin ann am Balsora, air an d' thugadh Bedredin Hasan mar ainm.

Leis cho aoibhneach 'sa bha'n t-ard chomhairleach ann am Balsora gu'n d'rugadh ogha dha, thug e cuirm mhor do mhaithean a' bhaile, agus thug e tiodhlacan do na bochdan. Agus a chum gu'n nochdadh e do Nuredin gu'n robh meas mor aige air, chaidh e do'n luchairt far an robh an righ, agus ghuidh e gu h-umhail air gu'u deanadh e Nuredin 'na ard-chomhairleach, a chum gu 'm biodh de thoileachadh aige 'fhaicinn anns an dreuchd urramach so mu'n faigheadh e fhein am bas.

Bha meas mor aig an righ air Nuredin riamh o'n latha chunnaic e'n toiseach e, agus o'n a bha gach neach a chuir eolas air a' labhairt gu math uime, rinn e mar a ghuidh an t-ard-chomhairleach air, agus dh' ordaich e do Nuredin trusgan ard-chomhairlich a chur uime.

Air an ath latha, an uair a chunnaic an t-ard-chomhairleach a chliamhuinn air cheann comhairle an righ, far am bu ghnath leis fhein a bhith, agus cho ordail 's a bha e 'deanamh a dhleasdanas, bha e cho aoibhneach 's a b' urrainn a bhith. Rinn Nuredin a dhleasdanas cho math 's gu'n saoilleadh duine sam bith gu'n robh e fad uile laithean a bheatha anns an dreuchd. Lean e air a bhith suidhe air cheann na comhairle o am gu am, an uair a bhiodh 'athair-ceile ann an droch shlainte tre anmhuinneachd na h-aoise.

An ceann cheithir bliadhna 'na dheigh sin dh' eug 'athair-ceile. Aig am a bhais bha e ro thoilichte gu'n robh a chliamhuinn 'na dhuine ro urramach, agus gu'n robh a h-uile coltas gu'm biodh 'ogha, nam biodh e beo gu aois fearachais, 'na dhuine measail, cliuiteach mar an ceudna.

Chuir Nuredin an gnìomh an dleasdanas deireannach dha 'athair-ceile ann an spiorad graidh is taingealachd.

An uair a bha Bedredin Hasan seachd bliadhna do'aois, fhuaradh fear-teagaisg dha cho math 's a bha ri 'fhaighinn. Bha e air a theagasg anns gach foghlum a bha freagarrach air son a shuidheachaidh. Bha e 'na leanabh cho turail, glic, geur-chuiseach, agus cho math gu foghlum a thogail ri leanabh a b' urrainn a bhith.

Bha Bedredin Hasan da bhliadhna fo theagasg an duine so, agus cha b'e mhain gu'n leughadh e an Coran gu math, ach dh' ionnsaich e air a theangaidh e mar an ceudna. 'N a dheigh sin fhuaradh luchd-teagaisg eile dha, agus thainig e air aghart cho math ann am foghlum 's gu'n robh e lan-ionnsaichte aig aois da bhliadhna dheug. Aig an am so bha e cho maiseach 'na ghnuis, agus cho tlachdmhor anns gach doigh 's gu'n robh gach neach a chitheadh e a' gabhail tlachd dheth.

Gus an d'rainig e an aois so, cha d'thugadh an lathair uaislean na cuirte e. Ach a nis thugadh do'n luchairt e, a chum gu'n tugadh e pog do lamh an righ. An uair a chunnaic an righ e, nochd e gu'n robh meas mor aige air. Ghabh an sluagh a chunnaic air na sraidean e tlachd mor dheth, agus thug iad mile beannachd dha.

O'n a bha toil aig athair gu'm biodh e 'na ionad fhein an deigh a bhais, rinn e gach ni a ghabhadh deanamh a chum a dheanamh freagarrach air son an dreuchd aird agus urramaich sin. A dh' aon fhacal, rinn e gach ni a ghabhadh deanamh a chum a mhac a chur air aghart anns an t-saoghal. Ach an uine gun bhith fada, thainig tinneas trom air; agus an uair a thuig e nach robh am bas fada uaithe, rinn e deiseil air son a' bhais.

Anns na laithean deireannach cha do dhichuimhnich e a mhac Bedredin. Chuir e fios air a dh'ionnsuidh taobh na leapadh, agus thuirt e ris,

"A mhic, tha thu 'faicinn nach mair an saoghal so ach uine ghoirid; cha'n 'eil ni sam bith a mhaireas ach an saoghal a dh'ionnsuidh am bheil mise 'dol gun dail. Feumaidh tu, air an aobhar sin, deanamh deiseil a so suas gus an saoghal so fhagail, mar a tha mise 'deanamh. Feumaidh tu ulluchadh a deanamh gun ghearain sam bith, a chum nach bi do chogais 'g ad agairt air son nach do chaith thu do bheatha mar dhuine 'onarach. Fhuair thu eolas o do luchd-teagaisg mu thimchioll nan nithean a bhuineas do'n fhior chreideamh. Agus a thaobh nan dleasdanasan a tha mar fhiachan air daoine onarach a chur an gnìomh, bheir mise beagan fiosrachadh dhut, agus tha mi'n dochas gu'n dean thu feum math dheth. O'n a tha e feumail gu'm biodh fiosrachadh aig duine mu thimchioll fhein, agus o nach 'eil e comasach dhutsa am fiosrachadh so fhaotainn gus an innis mise dhut e, innsidh mi nis dhut e.

(Ri leantuinn.)

Cairistiona (a' leughadh)—"Tha na luchan gle dheigheil air ceòl, agus thig iad cho teann air agus is urrainn daibh?"

Fear an tighe—"Gearr as, agus cuiridh mi gu caileag Iain Bhain 'san ath thigh e.

Cuir a dh' iarraidh MHIC-TALLA.

[TD 399]

[Vol. 6. No. 50. p. 7]

Tha iad ag radh gu bheil an carbad-iaruinn, an deigh an 20mh latha dhe'n mhios so, gu bhi 'fàgail a' bhaile so aig ochd uairean 'sa mhaduinn, agus a tilleadh mu naodh uairean feasgar. Bidh sin moran na's fhearr na mar a tha e ruith an dràsda.

Chaidh gill' òg d' am b' ainm Iain H. Domhnullach, a mharbhadh anns a' Mheinn a Tuath a sheachdain gus an diugh. Bha e 'fuasgladh da charbad guail o chéile, agus air dòigh eigin chaidh a cheann an sàs eadar aon de na carbaid, a bha air ghluasad, agus posda bha ri taobh an rathaid. Cha robh e beò ach fhad 'sa bhatar 'ga thoirt dhachaidh.

Thainig bàs gle aithghearr air an Urr. Fionnladh Siosal, Sagart <eng>Glace Bay.<gai> Ghabh e droch cnatan o chionn ùine ghoirid air ais, agus chaochail e 'sa mhaduinn Di-haoine, air an t-seachdain s'a chaidh. Bha e ann am paraiste <eng>Ghlace Bay<gai> re choig bliadhn' deng. Rugadh e air an Amhuinn Duibh, an siorrachd Antigonish; cha robh e ach leth-cheud bliadhna 'sa h-aon a dh'aois. Bha a chorp air a ghiulan gu Antigonish 'sa mhaduinn Di-luain, agus air adhlacadh an sin. Chaidh àireamh mhor do mhuinntir a pharaiste, agus de dhaoin' eile air adhart dh'ionnsuidh an adhlacaidh.

Fhuair na Stàitean seachd mìle fichead saighdear a chur air tir ann

an Cuba air an t seachdain so. Tha cabhlach nan Stàitean fhathast aig beul acarsaid Santiago, agus cabhlach na Spàinne a stigh as am fianuis. Thug ceannard nan soithichean Geancach ionnsuidh air an acarsaid a dhùnadh suas le bàta guail a chur fodha ann an àite 'sam bheil i gle chumhang. Chaidh ochdnar dhaoine treuna air adhart leis a' bhàta, agus chaidh aca air a cur fodha dìreach far an robh iad ag iarraidh. Loisg na Spàinntich orra, ach cha deach a leon ach a dithis. Chaidh an glacadh uile, agus tha iad a nise air an cumail mar phrìosanaich cogaidh; bha an gnìomh a rinn iad cho treun 's gu bheillear a' buntainn gle chaoimhneil riutha. Bha beagan sabaid air a dheanamh toiseach na seachdain so anns an àite cheunna, ach cha robh buaidh mhor air taobh seach taobh. Tha Santiago air a dhion le àireamh de dhaighneachdan làidir, agus bidh e gle dhoirbh do arm nan Stàitean an t-àite chosnadh.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid, \$1.00
'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair.35
Orain Iain Luim .35
Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa 1.10
<eng>Gaelic Class Book<gai> .35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son a phris ainmichte.

Sgrìobh gu
<eng>J. G. MACKINNON,
Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu
Suic agus Iarunn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-
taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaig air laimh. Ma tha thu air son

Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige
math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle
thoileach a shealltuinn.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C. B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid

sin de 'n ghnòthuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a thig g'a h-ionnsuidh an DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid, agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy, ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 400]

[Vol. 6. No. 50. p. 8]

Laoidh.

(Air a leantuinn.)

Anns an t-saoghal bithidh amhghar agaibh; ach biodh deadh mhisneach agaibh, thug mise buadh air an t-saoghal.-Eoin, xvi: 33.

'S a 'nuair a ghabh e feoil air,
Bha doruinnean gu tachairt air,
'S gun rum 'san tigh-òsda
Aig an òigh, chaidh sud bhachdadh dhi.
'S ged bu mhac e, dh' fhoghlum e,
Umhlachd thoirt do 'n òrdugh,
'Nuair chaidh e sìos do Iordan
Gu Eoin a chum a bhaisteadh leis.

'S mu 'n deach e gu gloir,
Bha e comhla ri chuid dheisciobuil,
'S e maille riutha 'comhradh,
Na shuidh aig bord na suipeireach;
'Sann dh' àithn e sud mar ordugh,
Gu fhrithealadh an còmhnuidh,
Gu 'n tigeadh e fa-dheoidh
Anns na neoil a chum a fiosrachadh.

'S on tha an obair crìochnaicht',
Is riarachadh aig ceartas,
Leis a neach a phaigh na fiachan
'S nach iarr e dad o pheacairean,

Ach umhlachd 'thoirt do 'n riaghailt,
A ta na fhocal sgriobhte,
'S do mheud 'sa thig ga iarraidh,
Tha bainne is fion a nasgaidh dhoibh.

'S tha cuirm do nithibh àraidh
A ghnath do 'n dream a ghabhas ris,
A ghairm thug e gu cairdeil,
'S bha pairt is cha do ghabh iad e.
Ach chuir e muinntir araidh
Ga tional bhar na sraidibh,
'S ged rinneadh mar a dh' aithn e
Tha fathast àite falamh ann.

Ach cia mar 'gheibh mo sheòrsa-sa,
Coir air a bhi maille ris,
'Nuair chaith mi laithean m' òige
An goraich' is ri amaideachd.
Ach 'sann a tha mo dhòchas,
'San Ti do 'n ainm Iehobha,
'S o'n rinn e fhuil a dhòrtadh,
Tha trocairean gun cheannach ann.

Ach cliù a bhi do 'n ghradh,
Tha do ghne cho eadar-dhealaichte,
'S nach d' inntrig ann a nadur,
An airde th' ann a bhreathnachadh.
Tha doimhne, 's fad is leud ann,
Tha e gun tus, gun chrìoch air,
'Sann dh' inntrig e rùn siorruidh,
Na Trianaid uile-bheannaichte.

Ach cia mar ni mi cainnt air
'S mi manntach ann a labhairt air,
A ghradh a tha do-rannsaicht',
Gun cheann air tha e maireannach.
'S mu 'n robh na cnocaibh ann,
'S mu 'n do shuidhicheadh na beanntaibh,
Na toibrichean, na doimhne,
Cho fada thall 's nach aithne dhomh.

Ach goirear focal Dé dheth,
'S tha sloigh na nèamhan umhail dha,
'S tha bhriathran air an seuladh
Le spiorad fein, oir thubhairt e,-
Gu dealaicheadh na sleibhtean,
Ri 'm bunaitibh 's r' an steidhidh,
Mu 'm fag e chaoidh 's mu 'n treig e,
A mheud 's air son an d' fhuiling e.

'Se charraig e 'san fhàsach,
'Se Mana e 'chaidh ullachadh;
'Se 'n tobar do thigh Dhaibhidh,
'S luchd-aitichidh Ierusalem;

Gu glanadh dhiubh gach càileachd,
Tha ceangailte ri nadur,
Gu dhol a stigh do 'n aros,
Anns nach eil bàs no fulangus.

'S a mheud 'sa lean an t-uan dhiubh,
'Se 'n suaimhneas a bhi maille ris,
O'n cheannaich e le luach iad,
Cha dean e bh' uaidh an dealachadh.
'S ged dh' amhlacar 'san uaigh iad,
Am bàs bidh dhoibh na bhuannachd,
'Nuair ni e 'n togal suas leis,
'Sa chuartaicheas e dhachaidh iad.

'S an uair theid iad thar Iordan,
A dh' fhaicinn gloir an fhearainn sin,
'Sa shluigear suas an dòchas,
Le seilbh na còir a cheannaich e.
Bidh iad a seinn an òrain,
A chaidh a bhios mar cheòl dhoibh,
'S ag imeachd ann an òrdugh,
Air sraidibh oir na cathrach sin.

'S bidh comhliontachd nan aoibhneas,
'Sa chaidh cha bhi iad uireasbhach.
'Nuair gheibh iad crùn na h-oighreachd,
A rinn an rìgh dhoibh ullachadh;
Theid buileach as an cuimhne,
Gach dragh a bheir an inntinn,
'S cha 'n iarr iad solus coinnle,
'S cha tig an oidhche tuilleadh oirr'.

Tha ghne a th' ann cho oirdheirc,
'S ged labhradh beòil cha 'n urrainn iad,
Le cainnt a chur an òrdugh,
Mu ni cho glòirmhor, urramach,
A dh' inntrig ann an tròcair,
Am buadhaibh graidh Iehobha,
'S o n tha mi mall an eòlas
Gu tóiseachadh, 'sann sguireas mi.

Rinneadh an laoidh so le Tormad Bàn Mac-an-t-Saoir, a bha 'fuireach
anns a Bheighe 'n Iar, agus a chaochail an sin 'sa bhliadhna 1896.

Bha tiormachd mhor ann o chionn treis a dh' uine air ais, agus bha
an talamh ann an iomadh àite gle fheumach air uisge. Bha uisge trom
ann 'sa mhaduinn Diardaoin a thug deoch mhath dh' an talamh, agus a
bheir air fiar us fochann fas gu bras.

FAICEALL

a mhuinntir òga, cha mhair na suilean boillsgeach, no na gruaidhean
dearga sin agaibh fada, ma bhios tinneas stamaig oirbh. Ma bha sibh

gòrach 's ma tha sibh a nise air ur cradh le cion-cnamhaidh,
gairmibh g'ur cuideachadh an lighiche tapaidh sin, K. D. C. Cuiridh
e ruaig air an nàmhad, agus aisigidh e lathaichean briagha, sona
dhuibh. Bu choir K. D. C. a bhi anns gach tigh oir leighsidh e gach
seorsa tinneas stamaig.

Sampuill de K. D. C. 's de na <eng>Pills<gai> a nasguidh
<eng>K. D. C. Company Limited, New Glasgow, N. S., and 127 State
St., Boston, Mass.<gai>

DH' IARRAMAID AIR NA GAIDHEIL

's air muinntir eile a tha air son <eng>"Typewriter"<gai> a
cheannach, iad a dh' fheuchainn ainm na
Blickensderfer No. 5,
mu 'n ceannaich iad seorsa sam bith eile. A phris, \$35.00.

Tha seorsachan eil againn cuideachd.

<eng>CREELMAN BROS, Typewriter Co.,
15 Adelaide St., East,
Toronto, - - ONT.<gai>

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh
thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.
Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.
GHEIBH AIG
<eng>C. P. MOORE,<gai>
Sidni, C. B.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN agus BROGAN.

Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn
- 'g an creic-

SAOR! SAOR!

SIDNI, C. B. <eng>JOST BROS.<gai> 13 MAIGH, '98.

[TD 401]

[Vol. 6. No. 51. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 17 IUN, 1898. No. 51.

MAIGHSTIR GLADSTONE.

Chaochail an duine mor agus ainmeil so. Air feadh gach cearna de rioghachd farsuing Bhreatuinn bha ainm 'us buaidhean Ghladstone iomraiteach gu leoir. Tha caoidh bhronach air a' deanamh a nis do bhrìgh gu bheil Uilleam Euart Gladstone tosdach ann an suain a' bhais, agus gu brath nach cluinnear a ghuth a rithist agus nach tabhair e 'bheachd seachad mu chuisean 'us mu thrioblaidean a tha lan curam 'us imcheist do chinnich 'us do 'n t-saoghal. Rugadh Gladstone ann an Libherpool, ann an deireadh na bliadhna 1809. Bha e mar so, faisg air ceithir fichead bliadhna 's a deich, an uair a rainig e crìoch a reis air an talamh. Is e Albannaich a bha 'na athair agus 'na mhathair. Is i bana-Ghaidheal a bha, ann an seadh sonruichte 'na mhathair. Bhuineadh i do Chlann Raibeirt no do Chlann Dhonnachaidh, ann an siorramachd Rois. Fhuair e meas 'us cuideachadh mor ann an Albainn an uair a bha e aig ceann-riaghlaidh na rioghachd, le bhi 'g innseadh do na Albannaich gur e Albannach a bha ann fein, agus gu robh e fuasach toilichte 's proiseil gur e fuil Albainn a bha 'blaiteachadh a chridhe. Is e smior an t-Sasunnaich a bha ann ann an ionnsachadh, agus anns gach beachd shuidhichte 'bha aige mu 'n chrùn 'us mu 'n eaglais. Bha athair 'na dhuine beartach. Chaidh e, am feadh a bha e gle òg, do 'n sgoil chliuteach a tha dluth air luchairt na ban-rìgh. Ann an Eton, (oir is e so ainm na sgoil,) fhuair e air aghaidh gu tapaidh 'us gu iongantach. Nochd e gu soilleir gu robh buaidhean inntinn treubhach aige, agus gu robh comas anabarrach aige airson cainnt 'us deasboireachd. Chaidh e bho sgoil Eton gu oilthigh Ath-nan-damh <eng>(Oxford), <gai> far an do choisinn e cliù ro-mhor airson sgoilearachd. Fhuair e onoir ard, da rìreadh, aig crìoch a chuairt anns an oil-thigh so. Is e sgoilear gasda a bha ann, agus bha eolas domhain 'us mionaideach aige air Greugais agus air Laidionn, mar an ceudna. Sgrìobh e <eng>Inventus Mundi, <gai> agus leabhraichean eile 'tha dearbhadh gu cinnteach cia co farsuing agus co pongail 's a bha an t-eolas a bhuineadh dha. Ged bha, re iomadh bliadhna, obair chudthromach aige r'a dheanamh, chum e suas daonnan, deigh ghasda air sgoilearachd. Is ann an uiridh fein, a chuir e 'mach clodh-bhualadh ùr air obair aluinn an Easbuig Butler. Bha e daonnan 'na sgoilear dichìollach, dealasach, agus bha e min-eolach air na ceistean a bha, o àm gu h-àm, a' fadadh suas duilgheid, agus iomaguin, 'us stri, am measg daoine foghlumte 'n t-saoghail.

Bha e gle òg an uair a chaidh e do 'n phàrlamaid. Ann an tus a

laithean anns a' pharlamaid, is ann do 'n chuideachd sheasmhach, na <eng>Tories,<gai> a bhuineadh e. Dhearbh e le 'sgriobhaidhean 'us le 'oraidean, gur ann air an taobh acasan a bha e 's a bhitheadh e. Bha na beachdan a bha e 'dion 's a moladh 'n a òige gu comasach 'us gu h-ùr-labhrach, gu tur eadar-dhealaichte bho na beachdan a bha aige 's a bha e iarrtuisreach a chur an gnìomh ann an laithean a chumhachd agus a shean aois. Fhuair e ann an uine ghearr aite measail am measg luchd-riaghlaidh Bhreatuinn. Ma dh' fhaoidte, gur e 'n comas geur-inntinneach agus tearc a nochd e mar fhear ard-ionmhais na dùthcha, 'choisinn dha am meas agus am moladh 'us an t-ainm oirdheirc a bu mhodha 's a b' fhearr a bha aige riamh. Ghabh e dragh anabarrach ann an oidheirp ghasda 'rinn e airson eolas mionaideach agus pongail fhaotainn air gach ceaird 'us malairt; air gach beartais 'us dichìoll; air gach cis 'us ain-fhiach; air gach fearann 'us loch a bhuineadh do Bhreatunn. Is e duine mor, laidir, foghainteach a bha ann, le gnuis aoidheil, bhoidheach, 'us le cliabh farsuing, laidir. Chunnaic mi fein e aon uair ann an Glaschu, agus fhuair mi sealladh maith dheth, oir bha mi gle dhluth air a charbad anns an robh e. Bha suil gheur, dhubh 'n a cheann, agus bha iomairean 'na aodann, a' dearbhadh gu d' rinn e cheana, iomadh obair chruaidh. Bha e ùr-labhrach, 'us deas-bhriathrach. Cha robh anns a' pharlamaid neach eile 'labhradh co maith 'us co druigheach ris. Ghiulaineadh e leis an sluagh gu leir le 'chainnt thaitneach, ghreadhnach, agus leis an eud 'us a' chumhachadh a bha daonnan 'n a chainnt 's 'n a choslas. Mar fhear-riaghlaidh, cha robh e riamh co gaisgeil, neo-sgathach, foirmeil ri Palmerston, anns gach gnothuch a bha aige ri rioghachdan eile, 's an dion onoir 'us coirean Bhreatuinn anns gach cearna de 'n t-saoghal. Rinn e mearachd gu tric an uair a bha e aig ceann luchd-riaghlaidh na rioghachd, le bhi 'tabhairt tuille 's a' choir d' am beachd 'us d' an toil fein do rìghrean 'us luchd-comhairle rioghachdan eile. B' eigin da 'chuibhrionn fein de dhimeas, 'us de chaineadh, 'us de ghamhlas fhulang, am feadh a bha e, mar bha e fein agus a' chuideachd a' creidsinn, a' deanamh leasachaidh feumail. Is e 'thug o'n Eaglais Shasunnach ann an Eirinn, an suidheachadh a bha roimhe aice. Thug e uaithe, mar an ceudna, moran de 'maoin 'us de 'h-ughdarras. Thog mìle duine 'ghuth an aghaidh Ghladstone aig an àm so. Bha e 'g a dhion fein le 'bhi cumail a mach nach robh an Eaglais Shasunnach riamh taitneach do na h-Eirionnaich do bhrìgh gur ann le laimh laidir nan uachdaran a bha i air a suidheachadh anns an tìr. Is ann do 'n Eaglais Shasunnach agus do 'n chuideachd ard innte 'bha Gladstone dileas daonnan, agus d' an thug e 'ghradh, 's a speis, 's a sheirbhis. Bha ioghnadh anabarrach air mìltean an uair a thainig eachdraidh beatha Chardinal Manning a mach, gu robh e fein agus Gladstone 'n an cairdean dileas, gu robh iad le cheile 'gabhail beachd gu minic air beachdan sonruichte na h-Eaglaise Shasunnaich agus Eaglaise na Roimhe, agus gu robh aon chuid cinnt no dochas laidir aig Manning gu fagadh Gladstone, maille ris fein, an Eaglais Shasunnach.

Ged b' abhaist do Ghladstone 'bhi 'caineadh 's a smadadh nan Eirionnach airson gach mì-riaghailt, 'us upraid, 'us othail air am bheil iad aig amannan deigheil, dh' atharraich e 'bheachd gu h-obann; agus gun cead no comhairle nan daoine comasach, uasal a bha 'riaghladh na rioghachd maille ris, fhaotainn no iarruidh, rinn e

suas inntinn gu tugadh e fein-riaghladh do na h-Eirionnaich;-is e sud, parlamaid doibh fein agus comas an gnothuichean fein a riaghladh agus a chumail ann an ordugh. Threig aireamh d'a luchd-comhairle Gladstone, oir bha iad gu dìongmhalta an aghaidh parlamaid a thabhairt do na h-Eirionnaich. Le gaisge dhalma, rinn an sean laoch Gladstone spairn chruaidh airson fein-riaghladh a bhuileachadh air Eirinn. Cha do shoirbhich leis, oir chuir na morairean, le corr 'us ceithir cheud thairis air na morairean a bha fabharach do Ghladstone, crìoch air dìchioll an t-seana ghaisgich, agus thug iad dearbhadh follaiseach seachad nach aontaich iad gu brath le beachdan Ghladstone mu dheibhinn riaghladh Eirinn.

Bha Gladstone daonnan dìreach agus ceart 'na chaithe-beatha. Bha e ullamh gach uair air cor nan rioghachdan laga 'dhion, agus air a ghuth a thogail gu duin-

[TD 402]

[Vol. 6. No. 51. p. 2]

eil, dileas an aghaidh luchd an fhoirneirt, agus as leth treubhan 'us tìrean aig nach robh saorsa, no sonas, no sìth, no seasgairleadh, on bha 'n luchd-riaghlaidh co an-ìochdmhor, cruaidh-chridheach. Ma dh' fhaoidte nach robh Breatunnach air bith 'na latha fein, air an robh meas co mor ri Gladstone air feadh an t-saoghail. Bha e fuasach caoimhneil agus cairdeil, 'us bha tlaths 'us ailleachd urramach 'n a ghnuis 'us 'n a chomhludair gu h-ìomlan. Bha iadsan a bha gu tur an aghaidh a bheachdan a' ghleidheadh suas an cairdeis leis. Is taitneach agus is tiamhaidh a tha na h oraidean a labhair iadsan mu dheibhinn Ghladstone an uair a fhuair e bas;-iadsan a chaidh calg-dhireach 'n a aghaidh, aig ìomadh àm 'us ann an ìomadh cuis. Chuir a bhan-rìgh agus an duthaich gach onoir 'us urras air an t-sean duine oirdheirc a chaith a threoir agus a laithean ann an seirbhis 'na rioghachd. Tha e 'nis aig fois ann an Abaid Iar-Mhìnstear, am measg daoine foghlumte, 'us gaisgeil, 'us treibhdhireach, 'us ceolmhor, 'us ùr-labhrach, 'us ealanta nan linn a bha 's a dh' fhalbh.

CONA.

MINISTEAR THOM NA CREIGE.

LE IAIN MAC CORMAIG, FIONNAPHORT.

Is fhada o'n chuala sibh an Sean-fhacal. "Ciad Sagairt gun bhi sanntach," ach tha cheart fhàilinn anns na ministeirean, agus b' aithne do chuid agaibh fear dhiu-minister Thom na Creige. Bha e air aithris am measg a luchd-eòlas na'm biodh nì 'sam bith 'ga dhith nach b' ann a chionn 's nach iarradh e e. Cha robh banais aig am bitheadh e nach toireadh e dhachaidh 'na phòca sgonn cho mór ri foid mòn de 'n bhonnach-bhainnse, a bharrachd air na dh'itheadh e, agus b'e sin barrachd air duine caomaiseach sam bith. Bha e air ìomradh

nach do mharbh Eoghan Bàn an Lagain, muc riamh 'nuair a bhiodh gaoth 'n iar ann, a chionn a cheart cho cinnteach 'sa ruigeadh sgiamhail na muice tigh a' mhinistear air sgiathaibh na gaoithe, bhiodh am ministear a measg na cuideachd le tuiteamas mur gu'm b'eadh, 's bhiodh a chuid de'n chuirm aige, cho math ri sgonn de'n mhuic, a dhol dhachaidh, Ach theab a shannt fhaotainn aon uair ann an dragh. Dònach a bha sin, an deigh na searmoin, ghabh e sràid a sios a dh'ionnsaidh a' cheatha, agus có 'm bàta thachair a bhi stigh ach an "Ealasaid," bàta Eachainn Ruaidh. B' aithne dhaibh air fad Eachann-duine cho làn innleachdan 'sa bha 'n t-ubh de'n bhiadh. Chaidh am ministear air bòrd, agus chuir Eachann Ruadh fàilte air. Thug e sios d'a shìomar féin e agus tharruing e nall botul de'n "bhranndi" a b'fhearr, oir mar is math a bha fios aig a' mhinistear, bha'n "Ealasaid" dìreach an deigh tighinn a nall as an Ollaind. Dh'òl am ministear air slàinte Eachainn, agus an uair a fhuair e 'anail cha do chaomhain e cainnt a' moladh a "bhranndi," agus leig e ris do'n sgiobair nach biodh e dad an aghaidh botul a thoirt dhachaidh leis. Cha robh e idir furasda do'n sgiobair chòir a dhiùltadh. Thug e dha botul agus spar e e'm pòca-cùil a' chòta mhòir e. "Saoil thu," ars' am ministear, "a bheil so a sealltainn mi-cheudach?" 's e 'toirt sùil thar a ghualainn air earball a chòta, oir bha nis, le cudrom a' bhotul, an darna taobh a toirt a chudrom as an taobh eile. "Ma ta," ars' gu sgiobair; "tha e gu math éibhinn; 's ann a b'fheàrrde sibh cudrom a bhotuil do rudeigin a chur 'san taobh eile, shealladh e mòran ni b'fheàrr. Nach robh cho math dhuibh am botul fhàgail an nochd agus chuirinn fhéin duine dhachaidh leis am màireach."

Smaointich am ministear gu'm b'fheàrr aon eun 'san laimh na dha dheug air iteig. "Tha e gu'n teagamh a' sealltainn mi-cheudach agus mar tha thu 'g ràdh b'fheàrrde mi cudrom a' bhotuil de rudeigin air an taobh eile. Cha'n 'eil fhios am b' urrainn thu botul eile 'sheachnadh?" Cha robh aig an sgiobair ach an darna botul a tharruing a nuas 'sa chur 'sa phòc' eile. "Nis," ars' an sgiobair 'nuair a bha iad a' tighinn a mach as an t-seòmar, 'sam ministear a fhalbh, "tha fear an Tigh chuspain a' sràideamachd air clàr-uachdar na luinge 's cha mhath gu mothaich e na botuil agaibh." "Ubh, ubh! ars' am ministear cha do smaoinich mi air a sin idir, nach bu tàmailteach na'm beirte ormsa, ministear na sgìreachd, le m' dhà bhotul, "branndi" air nach deachaidh riamh cìs a phàigheadh do'n Bhanrigh." "Cha'n 'eil cùram dhuibh," ars' an sgiobair théid mi fheibh gus am bi sibh a mach á cunnart." Dh' fhalbh na seòid, san uair a bha 'm ministear mu leth cheud slat bho'n t-soitheach agus á cunnart mar a shaoil leis, tharruing e osna a ghrunnd a stamaig, ma bha grund aice. "'Ne e sud am ministear," arsa fear an-Tigh-chuspain?" 'se sealltainn as deigh an fhir a bh'air ttr. "Is e," ars' an sgiobair, "an robh toil agad 'fhaicinn?" "Ma ta, bha," ars' esan; "tha càraid chloinne agam mu dha mhios a dh' aois, agus tha toil agam iad a bhi air am baisteadh. Cha'n 'eil mi ach air ùr thighinn do'n dùthaich so 's cha d' fhuair mi fhathast eòlas air a' mhinistear. "Nach ann as fheàrr dhuit ruith as a dheigh," ars' an sgiobair, bithidh e gle thoileach freasdal dhuit uair sam bith." Am mach ghabh fear an Tigh-chuspain na leum dhearg as deigh a mhinistear. Sheas an sgiobair air clar uachdair na luinge 'se tighinn bho dhruim leis a' ghaireachdaich, air an eagal a gheibheadh

am ministear 'nuair a chitheadh e fear nam putan buidhe 'tighinn as a dheigh. Bha am ministear an deigh dol mu'n cuairt oisinn gàraidh 'se gearradh bhoicinn mur gu'm biodh balachan ann, le toileachadh faotainn a mach á cunnart le dhà bhotul "branndi," 'nuair a chual' e fead. Thionndaidh e 's co chunnaic e tighinn as a dhéigh ach fear an Tigh-chuspain. Thuit a chridhe sìos gu shàiltean. "Leth na bochdainn," ars' esan ris fhein, "tha mi air breith orm an deigh a h-uile rud." Thainig fallus fuar a mach air a bhathais. Chuir e làmh air a chulaobh 's dh' fheuch e 'n robh na botuil slàn. Bha iad ann a sud na 'm fianuis 'na aghaidh. Dh' fheuch e ri coiseachd na bu luaithe agus eadhon ri ruith ach bha na botuil a sadadh a cheile, 's nam bristeadh iad cha bhitheadh a chùis dad ni b'fheàrr. Fead eile. Ach cha do leig e air gu'n cual e i. B' àil leis gu'n robh na botuil bhranndi 'san Ollaind gun fhàgail riamh, ach mu dheireadh thall bhuaill fear an Tigh-chuspain a làmh air a ghualainn. "Rug mi oirbh mu dheireadh," ars esan, "chunnaic mi shios aig an t-saothach sibh, 's bho 'n a bha 'n cothrom cho math cha b' urrainn mi 'leigeil seachadh." "Gu de an gnothach th' agad ruimsa?" dh' fheòirich am ministear cho spaireasach 's a b' urrainn da, ach aig a' cheart am bha e air chrith mar dhuilleig air craoibh. "Ma ta, 's e 'n sgiobair thug orm tighinn às ar deigh, bhruidhinn mi ris 'n uair a chunnaic mi sibh a' fàgail a bhàta" "Am blaomastair mosach," ars' am minister "'s maireg a chuireadh earbsa 'na leithid." "Tha mi duilich dragh a chuir oirbh air feasgar na Sàbaid." arsa fear an Tigh-chuspain, "ach cha b'urrainn mi ur leigeil seachad." "Nach fhaod thu mo leigeil seachad an aon uair so?" ars' am ministear, "cha ruig thu leis a bhi cho cruaidh ormsa 's a bhitheadh tu air daoine' eile." "Cha 'n urrainn mi sin a deanadh. Tha a bhean daonnan air m' aodann air son a cheud chothrom a gheibhinn a ghabhail, agus smaointich mi bhi agaibh cho luath 's a laidh mo shùil oirbh." "Tuts," ars am ministear, "gu de 'n gnothach th' aig do bhean ris?" "Tha i gabhail gnothach ris có dhiu," arsa fear nam putam buidhe; "cha'n 'eil mis 'ach mar tha daoine pòsda eile, agus feumaidh mi mo dhleasdanas a dheanadh. Cha'n fhaod mi leis a sin an rud a tha ceart a leigeil seachad."

'S e mar a bha, agus mar a dh' fhaodas sibh a thuigsinn, bha an dà bhotul branndi 's an dà leanabh 'g an amaladh a measg a chéile 's cha robh an darna fear idir a' tuigsinn an fhir eile.

"Ach seall thusa so," ars' am ministear, 's e feuchainn ris a ghnathach a reasonachadh a mach air a thaobh fhein, mar a b' fheàrr a dh' fhaodadh e, "Cha'n 'eil peacadh 's am bith 'sa chùis." "Tha fhios 'am air a sin gu math." fhreagair fear an Tigh-chuspain. "Faodaidh e bhi gur cionnta th'ann ann an sùil an lagha," ars' am ministear. "Cha chionnta e nis mò ma tha neach pòsda," arsa fear an Tigh-chuspain.

Cha robh am ministear idir a tuigsinn ciod a bu chiall de 'n ghnè bhruidhne so, agus cha mhor dìreach nach d' adaich e 'chionnta, ach chuir e 'bheul ri cluas fear an Tigh-chuspain agus ars' esan ann an cagar—"Nach ann a's fhearr dhuinn fear an t-aon a bhi againn 's gun an corr a bhi air?" "Ciod a tha sibh ag ràdh?" arsa fear nam putam buidhe, "bheil sibh am beachd gut h-amadan mi 'nuair a dh' iarraibh

sibh a leithid orm.

[TD 403]

[Vol. 6. No. 51. p. 3]

Cò air an t-saoghal a dheanadh a leithid sin do rud?"

"Ma ta," ars' a ministear 's a chridhe air tuiteam gu bonn a choise, agus b' annamh leis fàilneachadh, "tha cheart cho math dhomh an fhirinn aideachadh—"cha'n 'eil ann ach an dithis 's e bualadh a laimh air cùl a chòta. Tha fhios gu'n d' innis an sgiobair sin duit cho math ris a chòr, agus tha iad cho coltach r'a cheile ri dà sgadan." "Tha sibh ceàrr, cearr an sin," arsa fear an Tigh-chuspain; "cha'n 'eil fhios aig an sgiobair air dad mu'n chùis. 'S e dithis a th' ann gun teagamh ach cha'n 'eil iad coltach ri chéile chionn 's e caileag tha 'san dàrna h-aon agus balachan 'san t-aon eile, agus tha iad le cheile ruadh mar tha mi fhein."

Bha 'm ministear dall, bodhar; cha b' urrainn da thuigsinn ciod a bha'n duine ciallachadh. "Tha duil agum fhein," ars' esan, 'nuair a fhuair e comas bruidhinn "gur ann a brudar a tha thu." Cha'n ann idir," arsa fear an Tigh-chuspain, "'s coltaiche gu mor sibh fhein a bhi brudar, 'nuair tha sibh ag iarraidh orm mo charaid cloinne a roinn." "Càraid cloinn!" ars' am ministear, "ciod e chlann tha thu 'g ràdh?" "Nach 'eil," arsa am fear eile, "a chlann tha toil agam a bhaisteadh." "A chlann tha toil agad a bhaisteadh," ars' am ministear, "cha do thuig mi gus a so ciod a bha thu a' ciallachadh. Nach 'eil fhios, 'ille mhath gu 'm baist mi chlann, agus bithidh mi agad tràth 's an fheasgar Di-ciadain so 'tighinn. Tha thu ad chreideas mor do'n t-seirbheis 'sa bheil thu, agus tha mi 'n dochas gu'm faigh thu air d' aghaidh. Oidhche mhath leat!"

'Nuair a dhealaich iad r'a cheile thionndaidh fear an Tigh-chuspain agus ars' esan "A mhinistear chi mi sgòrnan botuil a steòcadh a mach às ar pòca; feuch nach caill sibh e!"—<eng>Highland News.<gai>

DROBHAIREACHD DHOMHNUILL-NAM-PRATAN.

LE AONGHAS MAC EANRAIG.

"Cha'n 'eil dùil a'm fhéin, a Sheònaid," arsa Dòmhnall-nam-pratan, "bho 'n a tha am mart cutach air tighinn gu greis aois, agus bho 'n a tha 'n fhaidhir ri 'bhi aig Druim-nan-damh am màireach nach feàrr dhuinn feuchainn ri 'faighinn bhuainn, agus ri té a's òige fhaotainn 'n a h-àite. Leis gu'm bheil i 'n ceart-uair seasg, gun laogh gun bhainne bithidh greis mu'm bi cothrom cho math againn air a faighinn bharr ar làimh."

"Tha am mart, gun teagamh, air fàs glé shean," fhreagair Seònaid; "fhuair mi fhéin mar thochar i, 's i 'n a gamhainn, 'n uair a phòs mi thusa; agus leis gu 'm bheil sinn naoi-bliadhn'-diag pòsda, tha

am mart cutach a' streap gu math ri fichead bliadhna. Ach 'd é nì thu g' a reic; cha'n fhaigh thu na bheir buillionn g' ad chù oirr' uile gu léir; 's tha fhios agad nach urrainn duinn airgid a chur a mach a cheannach mart eile, 'n ceart-uair, mura cuir sinn as na clachan e. Olc no math 'Norag' chutach 's fheàrr dhuinn i 'bhi againn no'm feurach a bhi rùisgte." "Coma leat-sa sin," arsa Dòmnull; "sean 'us cutach mar a tha 'Nórag' cuiridh mi geall gu'n dean i urrad 's a cheannaicheas am mart a's eangarra 'bhios air an fhaidhir." "Ubh, ùbh!" arsa Seònaid; "bithidh agad, ma tà, adhaircean ùra 'us iorball dosrach a chur oirre an toiseach. Ach dean thusa, 'ghaolaich, mar a' chi thu freagarrach."

Mar so, chaidh a shocrachadh gu'n rachadh 'Nórag' a chur air falbh.

"Thoir thusa, 'Sheònaid, an crùisgean a mach do'n bhà-thigh, gus am faigh sinn am mart a chur air dòigh air son a' mhargaidh. Tha rud no dhà ri sealltuinn 'n a dheigh mu 'n téidear gu féill le mart cho sean ri 'Nóraig,'" thuirt Dòmnull.

'Nis, cha'n 'eil duine 's am bith a tha 'gabhail air a bheag no 'mhór de dh' eòlas a bhi aige air spréidh, aig nach 'eil fios mar a's sine mart gur 'h-ann a's mutha 'bhios de dh' eagan 'n a h-adhaircean, agus gur 'h-ann a's caoile bhios buin nan adhaircean aice fàs. Mar so, leis gu'n robh 'Nòrag' fichead bliadhna cha robh cunntas air na bha de dh'eagan anns gach adhairc aice, 's bha am buin cho caol ri casan feannaige. Ach cha do chuir so iomagain no mì-ghean air Dòmnull. Thug e leis eithe agus dh' oibrich e air na h-adhaircean aice gus an robh iad cho mìn réidh ri feadhainn trì-bhliadhnaich; ach ge b' oil leis cha b urrainn da thoirt oirre gun a bhi coimhead geal neo-shliogach, air bheag de shlios no de loinn. Ach fhuair e beagan de dh' ùilleadh ròin, 'us shuath e riutha e gus an robh iad co sliosach 's gu'm faiceadh tu d' fhaileas annta.

"Air m' fhacal," arsa Seònaid, 'n uair a bha Dòmnull réidh de ghiollachd nan adhaircean, "gur tu am balach; cha'n aithnichinn gur h-i 'n t-aon mart a th'innte idir. 'S i 'n ath cheàird ris an teann thu tòiseachadh na spàinean. Ach cha bhi na dròbhairean toigheach oirre leis gu'm bheil i cutach. 'Dé nì thu ris a' sin?" "Stad thusa," arsa Dòmnull, 's e tachas a chinn, 's a dlùth-amharc air an làr;-tha mi aige-Tha 'n t-iorball aig 'Ui 'n-a-buidhe' dol fo 'casan co dhiu, leis cho fada 's a tha e. 'Se 'ni mi bheir mi sgonn deth agus ceanglaidh mi e ri iorball 'Nóraige'; 's cha bhi duine air faidhir Dhruim-nan-damh am màireach a dh' aithnicheas nach e fàs oirre 'rinn e."

Fhuair e deamhas agus sgud e dos math de'n iorball bharr "Ni 'n-a-buidhe" agus cheangail e le ròiseid 'us le sreang chruaidh chòrcaich e ri "Nóraig." 'N uair a fhuair e 'm mart a chur mar so ann an òrdugh sgoinneil air son na faidhreach chaidh e 'laidhe.

Moch an la 'r-na-mhàireach bha e air a bhonn, agus fhuair e gach cuis deas air son tarruing orra gu Druim-nan-damh. "Tha mi cinnteach," arsa Seònaid, "gu'm feum thu am beagan airgid a tha stigh a thoirt leat air son a chur ris na gheobh thu air 'Nóraig' gu

mart eile 'cheannach," "Cha toir sgillinn; cha ruig mi 'leag,"
fhreagair Dòmhnall. "'S mairg a thuirt Dòmhnall-nan-pratan riumsa
mur dean mi seòl air mart òg a thoirt dhachaidh air prìs seann té."

Mu dheich uairean thog e air, ag iomain 'Noraig' air thoiseach air.
Cha robh smuairnean no iomagain air ged is e aois fichead bliadhna a
bha dol a sheasamh a' mhargaidh dha; 'an àite sin 's ann a bha 'hùg'
aig' air gabhail duanaig do t-seana-mhart mar so:-

"'Nórag chrom, chrogach chrom,
'Nórag chrom 's beag mo thlachd dhiot;
Nórag chrom 's i gun aoidh,
'S clàr a h-aodainn air seacadh.

'Nórag chiar, lachdunn, ghnù,
'S beag 'tha shùgh ann ad chraicinn,
Ged gheobhainn ceathramh dhiot ùr
B' fhearr learn ùnsa tombaca.

Ged 'thuirt iad nach robh thu caoin,
Cha'n i 'n aois a chuir as dhuit;
'S ma tha thu car caol de dh' fheòil
Tha 'm pailteas treòir ann a'd chasan.

Ged tha sgonn de'n iorball dhiot,
Cha lughaid do phrìs e tasdan;
'S a dh' aon mheang a th' ann a'd bhàrr
Cha'n fhaodar le càch gu'm faicear."

'N uair a ràinig e an fhaidhir bha ioghnadh mòr air nach robh gin de
na dròbhairean a' toirt sùil idir air a' mhart a bh' aige-san.
Rachadh iad seachad a sìos 's a suas 's cha ghabhadh iad orra gu'n
robh iad 'g a faicinn. Mu dheireadh thàinig gille òg spaideil a bha
air ùr thòiseachadh air an dròbhaireachd-mac do fhear Bhaile-nan-
each, aig an robh urrad mheas air fhéin 's ged a b' iarla e,-thàinig
e 'nall 's dh' fharraid e de Dhòmhnall 'dé bha e 'g iarraidh air an
agh! "Tha deich puinnnd Shasunnach," arsa Dòmhnall, "'s cha toir mi
seachad sgillinn fodha sin e." "'Dé an aois a tha e," dh' fheòraich
an gille. "Bha e trì bliadhna toiseach an Earraich," fhreagair
Dòmhnall. "Cha chreid mi nach 'eil e tuillidh 'us sin," thuirt an t-
òganach. "Ma dh' aithnicheas tusa beathach," arsa Dòmhnall, "cha'n
abair thu gu'm bheil e na's sine na tha mise 'g ràdhainn." "Neo 'r
thaing mur 'h-aithnich mi beathaichean," arsa 'n gille; "Moire,
aithnichidh mi iad tuillidh 'us math, 'nis, air mo chosg. 'Dé chuir
bàrr an iorbaill aige buidhe 's an còrr dheth glas." "Cha'n 'eil
fhios agamsa," arsa Dòmhnall; "sin mar a chinn e." "'S neonach mar a
chinn e," thuirt an dròbhair. "Chinn e mar a chunnaic Nì-math
iomchuidh," fhreagair Dòmhnall. "Tha 'm beathach fuathasach caol;
cha d'fhuair e ach an droch gheamhrachadh," arsa 'n gille. "'S ann
mar sin is fhèarr a shamhraicheas e," fhreagair Dòmhnall. "U, 's
ann!" arsa 'n t-amadan bochd. "An gabh thu naoi puinnnd Shasunnach
air ma tà?" "Cha ghabh," arsa 'm fear eile; "ach ni mi so riut-bheir
mi dhuit air deich e." Tha'm beathach smearail bòidheach, 's bho 'n
a tha mi 'n déigh soin a ghabhail dheth bheir mi naoi 's a coig-diag

air," arsa'n gille. "'S e do chuid e, ma tà," arsa Dòmhnall, "agus is maith an cùnnradh a fhuair thu."

(Air a leantuinn air taobh 406.)

[TD 404]

[Vol. 6. No. 51. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 17 IUN, 1898.

LITIR A CEAP NOR.

A MHIC-TALLA NAN CREAG,—Ged tha mise a nis a teannadh ri sgrìobhadh ad ionnsuidh, 's beag a tha dh' fhios agam ciod a sgrìobhas mi, ach coltach ri Mac 'Illeasbuig ni mi cho math 's a dh' fhaodas mi.

Tha e 'na fhìor thoileachadh dhuinn a bhi leughadh nan litrichean gasda tha thu giùlan a dh' ionnsaidh do luchd-leughaidh gach seachdain. Tha "Cona" gu h-àraidh ri mholadh air son cho ro-chuimhneach 's a tha e air a bhi toirt dhuinn am briathran soillear, òrdail, cunntasan brioghmhor air gach cearna fa-leth de 'n t-saoghal. Tha mi faicinn nach robh e idir a' creidsinn gu 'n tòisicheadh cogadh eadar na Stàidean agus an Spàinn aig an àm so, ged bha na Stàidean cho bagarrach. Ach faodar a radh ris, mar thuirt Dòmhnall ri Calum. Bha Dòmhnall a sgròbail air an fhiodhaill agus e gun eòlas sam bith aige air fìdhlearachd. A deigh do Chalum a bhi tacan ag éisdeachd, thuirt e: "Aidh, a Dhòmhnuille! cha robh fios agam gu 'n robh thus' ad fhìdhlear idir!" Fhreagair Dòmhnall, "Tha fios agad a nis air!" Creididh "Cona" còir a nis gu bheil an cogadh amaideach ud air tòiseachadh cheana, oir cha 'n eil teagamh ri chur

ann, mar 'bha ri chur a'm fìdhlearachd Dhomhnuill.

Faodaidh e bhi gu 'n dean an cogadh so feum do na Cùbaich bhochda, agus mar an ceudna do luchd-àiteachaidh nan Eileanan Philipeach, agus bu mhath gu 'n tachradh sin; ach tha iolach-catha nan Stàidean, "Cuimhnichibh am Maine," maille ris na tha de dh' fhoirneart agus de mhi-riaghailt air a cheadachadh an taobh a stigh d'a criochaibh féin, a nochdadh gu soillear nach e uile gu leir na tha de thruas aice ris na Cùbaich a chuir an tràs a chogadh i, ach fìor naimhdeas ris an Spàinn agus dian-shanntachadh a cuid fearainn céin. Tha cuid dhe 'n bharaill ma theid leatha gu math 's a chogadh so, gur gearr an ùine gus an toir i ionnsuidh air Canada a cheannsachadh, agus a h-aonadh rithe féin. 'S dòcha gu bheil i amaideach gu leòr air son sin a dheanamh, mar a dh' fhaodar a bharaileachadh le 'cuid maoidheadh cogaidh air Breatunn, gun aobhar, o chionn bliadhna no dha air ais. Ach, ma ni ise sin, gheibh i mach nach eil a cuid cogaidh ris an Spàinn ach mar chluich cait ri luch leòinte, an coimeis ris an t-sàruchadh a gheibheadh i an spògan an leomhain Bhreatunnaich. Cha chreid mi nach eil sid gu leòr mu thimchioll a chogaidh mhosaich so, a tha 'togail pris a bhidh co àrd 's gu'm bi gu leòr aig cuid de dhaoine bochda r'a dheanamh, ma 's urrainn iad fhaotainn cruinn dheth na chumas an deò annta. Cha 'n eil teagamh, ged tha an cogadh calldach dhuinne 's an dòigh so, nach bi e gle bhuanachdail dhaibhsan a tha togail moran barra an cearnan eile de 'n uachdranachd, agus cha mhisde leamsa 'chùis a bhi mar sin; ach gu fìrinneach is i mo bheachd gur malluichte an duine no 'n rioghachd, a mhiannaicheadh cogadh fuilteach air sgath am buannachd fein.

Tha 'n aimsir air fàs blàth a nis, 's cha 'n eil an droch fheum air, oir bha deireadh Aprail agus toiseach a mhios so fuar agus rapach. Cha d' rinneadh moran tuathanachais an so fathast. Cha do chuireadh pòr sam bith ach buntàta.

Tha tri seachduinean air dol seachad o sgrìobh mi na th' air thoiseach air so de 'n litir so, agus is iomadh caochladh a ghabh àite 's an t-saoghal o 'n uair sin. Ann an tigh Alasdair Dhomhnullaich, an coimhearsnach 's dlùithe dhomh, dh' eug dithis leanaban an taobh a stigh do thri latha. Tha 'n t-aon leanabh a dh' fhàgadh, naoidhean òg, euslaint a nis, agus cha 'n eil e gle choltach gu'm faigh a mhàthair thairis air a tinneas fein. 'S e na trioblaidean so a bhac mi o'n litir a chur air adhart roimhe so, agus a dh' fhàg mi air bheag sùndd gu mo lamh a chur ri obair sam bith. Rinn mi togail ri litir "Bodachan a' Ghàraidh" anns a MHAC-TALLA a fhuair mi 'n raoir. Gu ma fada beò e gu bhi coimhlionadh a' gheallaidh, agus sinne gu bhi faicinn a' gheallaidh air a choimhlionadh. 'S eigin sgur. Is mi do charaid dileas,

M. D.

Ceap Nòr, Iun 2, '98.

BHO ALASDAIR AN RIDSE.

IAIN, A CHEIST:--Gheibh thu dolar am broinn an rola so air son

bliadhn' eile dhe'n MHAC-TALLA. Tha dùil agam a bhi 'faighinn a' phaipeir sin fhad 'sa bhios mi beò. Cha'n eil fhios am bi sin ro fhada, oir tha mi sean 's cha 'n eil mi ann an deagh shlàinte aig an àm so. Ach faodaidh mi radh mar a thuirt an nighean ris a' chaillich a bha 'gul 'nuair a chaochail am bodach. "Uistibh, a bhean," ars ise, "fhuair sibh roinn mhath dheth,"

ALASDAIR AN RIDSE.

Braigh Amhuinn a Deas Antigonish, Iun an 8mh, 1898.

Tha riaghladair Santiago a' toirt cuireadh do na Stàitean ceud gu leth mìle saighdear, no a cheithir uiread sin na thoilicheas iad, a chur do Chuba. Tha e 'g radh gu'n dean an cuirp deagh leasachadh do'n fhearann.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Chowes, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>

Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.

Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.

Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa 'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.

Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."

Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
MA tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige
neo sgrìobh uige.

[TD 405]

[Vol. 6. No. 51. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Bha teine mor ann am baile anns na h-Innsean an Ear, ris an canar Peshawar, air an t-seachdain s'a chaidh, agus bha ceithir mìle tigh air a losgadh. Tha an call gu h-iomlan air a mheas aig fichead millean dolair.

Tha mu dheich mìle fear-lagha a' crìochnachadh am foghlum anns na Stàitean na h-uile bliadhna, agus ma leanas iad air a dhol an lionmhoireachd mar sin, cha 'n fhada gus am bi an dùthaich beò leotha. Cha b' olc an gnothuch do Riaghladh nan Stàitean, àireamh mhiltean dhiubh a chur air falbh do 'n chogadh.

Bha da chorp air an toirt a stigh do Thruro, a sheachdain gus an diugh: daoine a chaidh a mharbhadh air an rathad-iaruinn. Bhuineadh fear dhiubh d'am b' ainm Boutilier do Cheap Breatunn. Bha am fear eile 'na fear-obrach ann am muileann sabhaidh. Cha b'ann cuideachd a bha na daoine idir. Chaidh duine eile a mharbhadh aig <eng>Gloucester Junction<gai> air an latha cheudna.

Thathas a glacadh moran adaig timchioll air <eng>Isle Madame<gai> o chionn seachdain no dha air ais. Tha na h-iasgairean cheana 'n deigh a dheich uiread 'sa b' àbhaist dhaibh a ghlacadh. Tha eadhon na gillean a' toirt gu tìr uiread ri mìle adag an aon latha. Tha so a' dol a dheanamh timeannan gle mhath do mhuinntir nan cearnan sin de 'n eilean, oir is iasg an adag air am faighear deagh mhargadh aig àm sam bith.

Di-ciaduin s'a chaidh, chuir an t-Urr. D. I. Mac-an-Tòisich, sagart Sidni Tuath, crìoch air a chòigeamh bliadhna fichead de 'shagartachd. Thug mhuinntir a' pharaiste an latha sin sporan òir dha mar ghibht, agus liubhair iad òraid bhriagha dha. Bha an t-Urr. A. F. Mab-Gille-bhràth, sagart Bhaoghasdail, coig bliadhna fichead 'na shagart air an latha cheudna, agus bha òraid chiatach air a toirt dha leis an t-sluagh.

Thainig frasan briagh' uisge o chionn seachdain air ais, a rinn feum mor do 'n talamh, a bha roimhe sin gle thioram. Bu chòir do 'n fhiar 's do 'n fhochann fàs math a dheanamh a nise. Tha gach seòrsa barra air deireadh air mar a bha iad aig an àm so an uiridh, ach ma leanas side fhabharach faodaidh iad fhathast a bhi ceart cho math 'sa bha iad an uiridh, agus ma bhitheas iad sin, cha bhi moran aobhar gearain aig muinntir na dùthcha so.

Chaidh fiach còrr us da cheud mìle dolair de dh' im a thoirt gu Halifacs an uiridh, á roinnean Ontario us Chuibeic. Bu chòir dha so sùilean a thoirt do thuathanaich Nobha Scotia agus Cheap Breatunn. Na'm biodh an cuid ime-san cho math air a dheanamh ri im nan roinnean ud, gheibheadh e margadh ann a' Halifacs air toiseach air im sam bith eile. Cha 'n eil ach dùthaich gle ainneamh na 's fhearr air son deanamh ime na an dùthaich so, agus iadsan nach eil a' deanamh im math, cha 'n eil an leisgeul ri ghabhail idir.

Tha sinn gu mor an comain na feadhach a chuir ugainn pàigheadh a' phaipeir air saileabh na litreach a chuir sinn a mach leis an àireamh s'a chaidh, agus tha fhios againn gu bheil àireamh mhor de ar leughadairean a' dol a dheanamh a' cheart ni gun dàil. Na deanadh neach sam bith nach do phàigh, a chùis a chur uaithe fhéin. Tha dòchas againn gu 'n dean na Gàidheil air a bhliadhna so, na 's fhearr ris a' MHAC-TALLA, am paipear fhéin, na rinn iad riann roimhe. Bha na Gàidheil o shean dileas d' an cainnt 's d' an dùthaich; ma tha Gàidheil an latha 'n diugh dileas d' an dùthaich no measail air an cainnt, cha 'n eil dòigh air an fhearr is urrainn dhaibh sin a nochdadh na ann a bhi cumail suas MHIC-TALLA. Tha dòchas làidir againn gu 'n dean iad sin.

Chaidh soitheach a mhuinntir St. Pierre a ghlacadh ann am Margaree, air a 5mh latha dhe 'n mhios so, air son a bhi bristeadh air lagh na cuspuinn. Bha roinn mhor de stuth làidir air bòrd aice. Chaidh a toirt gu Arichat.

Bha mearachd anns a' chunntas a thug sinn anns an àireamh mu dheireadh, air bàs Aonghais Dhomhnullaich, a chaochail ann a' Halifacs beagan ùine air ais. Thuirt sinn gu 'n d' fhag e fiach \$190,000, ach bha sin cearr; tha paipearan anns am faca sinn iomradh mu 'bhàs uaithe sin, a' meas na dh' fhàg e, eadar airgead us eile, aig \$50,000.

Tha an cogadh an deigh bochduinn mhor a thoirt air daoine anns na Stàitean. Tha malairt air a dhol air ais gu mór. Ann am Boston, tha aon tigh ceannachd, Jordon & Marsh, an deigh còrr us ceud cléireach a chur air falbh, a chionn nach robh obair aca dhaibh; agus tha tigh eile an deigh glé fhaisg air an àireamh sin a chur uatha air son an aobhair cheudna. Cha 'n eil an cogadh a' pàigheadh do na Stàitean.

Chaidh Eoghann Moireastan, anns a' bhaile so, a dhroch leònadh Di-luain s'a chaidh, le each. Bha e a' breth air an each anns a' phastur, nuair a thug e an ionnsuidh air. Bhris e a ghàirdean cearr, agus ghreim e e gu h-uamhasach, agus mur b'e gu 'n d' thàinig duin' eile g'a chuideachadh, cha 'n eil teagamh nach biodh e air a mharbhadh. Bha Mr. Moireastan gle iseal fad dha no tri lathaichean, ach tha e nise 'dol am feobhas.

Chaidh an t-Urr. R. I. Grand, ministear <eng>River John, N. S., <gai> a mharbhadh ann am Montreal a sheachdain gus an diugh. Bha e 'gabhail na sràide le rothair, agus air dha a bhi feuchainn ri caileag bheag a chaidh anns an rathad air a sheachnadh, thuit e dìreach mu choinneamh carbad-stràide; chaidh an carbad thairis air,

agus bha e air a mharbhadh air ball. Bu mhac brathair e do 'n Urr. Uilleam Grannd, ministear Phort Morien. Cha robh ann ach duin' òg, aois dheich bliadhna fichead, agus cha robh e pòsda idir. Bha e 'na dhuine air an robh fìor chliu agus a bha measail aig na h-uile chuir eòlas air.

Iadsan a Phaigh.

Bean Iain Dhughlaich, Mooreton, Dakota Tuath.
An t-Urr. A. Mac-Gille-brath, <eng>Dunmaglass, N. S.<gai>
Iain R. Caimbeal, Halifacs, N. S.
Donnachadh Siosal, <eng>Glassburn, N. S.<gai>
An t-Urr, D. Siosal, <eng>Antigonish, N. S.<gai>
An t-Urr. R. H. Dughlach, <eng>Thorburn, N. S.<gai>
Alasdair Domhnullach, Amhuinn a Deas N. S.
Iain I Mac Gilleain, <eng>Lakedale,<gai>
25c.

Murchadh Mac Fhionghain, <eng>Brooklyn,<gai> E. P. I.
Uisdean Mac Leoid, Braidalbainn, E. P. I.
Iain M. Gillios, Rona, E. P. I.
65c.

Domhnull Domhnullach, Stornabhagh, Que.
Niall Moireastan, <eng>Leeburn, Ont.<gai>
Lachuinn Ceanadach, Amhuinn Dhennis.
Domhnull Mac Amhlaidh, Mèinn an Reserve.
Tormad Mac Leòid, Mèinn an Reserve.
Bean A. Mhic Eachunn, <eng>Port Hood.<gai>
Uilleam Patterson, Forks Shidni.
Domhnull Mac Cuithein, <eng>Whitney Pier,<gai>
\$2.00

Eachunn K. Mac Neill, <eng>South Bar.<gai>
Bean Alastair Mhic Rath, Sidni.
An t-Urr. A. Mac Coinnich, Meinn Victoria.
Cailean Caimbeul, an Amhuinn Mheadhonach.
Iain Mac Ille-mhaoil, Rathad Horne.
Iain Dillon, an t-Eilean Cruinn.
Eoghan Gillios, Braigh Mhargaree.
Bean D. T. Mhic Dhomhnuill, Mabou.
Alasdair M. Mac-an-t-Saoir, Loch a' Chanu.
Lachuinn Domhnullach, Gut Mhira.
Seonaid Nic Artair, Amhuinn <eng>Inhabitants.<gai>
Oighrig Nic Aoidh, Beinn a' Mharmoir.
Mairi Nic-an-t-Saoir. Shunacadie.
25c.

An Sar-Urramach Alasdair Mac Dhomhnuill Easbuig <eng>Alexandria,
Ont.,<gai>

\$2.00

[Dealbh]
<eng>THE WANZER LAMP.<gai>

Cumaidh i solus riut.

Goilidh i 'n coire dhut.
Bruichidh i 'm biadh dhut.
Tairnidh i 'n ti dhut.

Cha chosg i uiread olla ri lamp' eile, agus ni i solus moran na 's
fhearr. Gheibh thu ri ceannach i aig
CAIPT. RUAIRIDH MAC NEILL,
Sidni, C. B.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a
dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an
deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth
air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann
am baile Halifax tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

[TD 406]

[Vol. 6. No. 51. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 403.)

Cha robh 'nis bhuaith ach mart a cheannach. Chunnaic e sgalag a'
mhinisteir, le atharla òg, bhuidhe chiatach, le laogh 'n a cois,
agus smaoinich e gu'n leagadh e ball 'us caman orra so. "Tha mart
ciatach agad an sin, 'ille; 'd é 'bhios tu 'cumail rithe fhéin 's
r'a laoighean," thuirt e. "Bithidh aona-punnd-diag Sasunnach,"
fhreagair an sgalag. "Ma tha i cho math ri 'coltas cha'n 'eil thu 'g
iarraidh as an rathad," arsa Dòmhnall. "Tha i h-uile buille cho math
ri 'coltas," thuirt an gille. "Tha a com a' sealltuinn glé fhalamh,
air chòr-éiginn," arsa Dòmhnall; "an ith i cuid?" "Mur 'h-ith cha'n
'eil mart eile anns an rìoghachd a dh' itheas. Théid mi'n urras gu'm
bheil i math air a cuid a ghabhail," thuirt an sgalag. "Nach stad
thusa gus am fiach mi 'beul; cha'n ann gun riasan a tha mart òg mar

so cho seang chlap-te," arsa Dòmhnall.

Rug e air cheann air a' mhart, agus dh' fheuch e a beul le 'laimh. Chrath e 'n sin a cheann, agus thuirt e—"A bhrònag bhoichd; cha mhi nach d' aithnich. Tha thusa, mar a thachair dhomh fhéin, gann de na fiaclan, agus 's mòr am beud e. Feumaidh gu'n do thuit i air a beul, no gu'n d'fhuair i ana-cothrom air chor-éiginn mu 'n do chaill i na fiaclan mar so. Nach tig thu fhéin, 's gu 'm feuch thu 'beul; cha'n 'eil a h-aon de na fiaclan 's a' bheul àrd, idir, aice. Tha eagal orm, a laochain, nach faigh thu duine ghabhas bhuat i. Cha bhiodh gin de na dròbhairean a' draghachadh rithe, co dhiu; ach tha mise 'sealltuinn a mach air son mart math, Gàidhealach, agus dh' fhaoidteadh gu 'n rachadh agam air a beathachadh le tùirneap—tha mi 'cur mòran di daonnan. Tha mi fuathasach duilich mar a dh' éirich do'n mhart agad, 'ille bhoichd; ach, a roghainn biodh dhà,—tha mi coma ged a bheirinn còig-puinnd Sasunnach dhuit oirre fhéin, 's air a laogh."

"Cha'n 'eil fhios agamsa 'd é ni mi," arsa 'n gille truagh; "ach tha 'm ministear fhéin air an fhéill, 's théid mì 's chì mi e."

'Nis, thachair nach robh tuillidh eòlais aig a' mhinistear air crodh na 'bh' aig an sgalaig, 's cha robh, mar so, fios aige nach 'eil fiaclan àrd aig mart 's am bith, 's nach robh riamh. Chreid e 's a' mhionaid na thuirt Dòmhnall; agus a' chur an sgeòil an giorrad, thug e am mart—an t-aona-mhart a' bh' air an fhéill—seachad air sia-puinnd 'us leth-chrùn.

Faodaidh sibh a bhi cinnteach gu'n robh Dòmhnall 's an deagh mhisnich a' tilleadh dhachaidh le atharla air a ciad laogh, 's an laogh 'n a cois, agus trì puinnd 's a dhà-dhiag 'us sia-sgillinn 'na sporran; 'us sin uile air tàilleamh 'Nòraig' chutaich.

"O, dhuine gun chiall," 's e 'thuirt Seònaid, 'n uair a ràinig e dhachaidh, "nach tu 'bh' air do bhreathas a dhol 'an caramh a leithid sin de mhart òg breagha. Tha fhios gur dàil a tha 'm pàirt dhi, agus c' iamar air an t-saoghal a tha fiughair agad a chuireas sinne 'n a àite fhéin sin. Nach tu a bha gun tùr gun mhothachadh." "Fhalbh," fhreagair Dòmhnall, "Fhuair mi air 'Nòraig' na cheannaich i sin, a bharrachd air còrr 'us trì puinnd Shasunnach a th'ann am sporran." Dh'innis e 'n sin di a' ghiutaireachd a rinn e. "Ma tà, ma tà," arsa Seònaid, "is fìrinneach a thug iad Dòmhnall—nam-pratan ort; cha'n fhaca mi riamh na rachadh romhad." Ma tha Dòmhnall beò tha e pratach fhathast.

TUILLEADH BHO'N GHILLE GHLAS.

FHIR-DHEASACHAIDH CHOIR,—An uair a bha mi 'sa cheanna-bhaile chunnaic mi iomadh ni a chuir iognadh orm. Chunnaic mi tigh air a dheanamh air cloich uile, agus leacan air a mhullach an àite nam bòrdanan tana bhios sinne cuir ann. Cha'n eil mi 'tuigsinn idir cia mar a chuir iad na tairnean annta, ach tha e coltach gun gabh e deanamh. Chunnaic mi 'n tagh-cuirt, agus 's briagh e; agus fo 'n

tigh-chuirt, ni math ga'r teasruiginn, am prìosan! 'Se àit' eagallach a tha 'sa phrìosan, le chomhlachan iarraidh, 'sa chuile te dhiu cho trom ri trosg marbh. Am fortan ga sheachnadh air gach duine, ach an duine tha 'ga thoilltuin. Tha balaich 'sa bhaile 'tha gle mhi-modhail. An uair a bha mis' ann bha'n sgadan air tighinn as ùr, agus bha annas aig gach aon dheth. Chunnaic mi seann duine 'dol dhachaidh á buth, agus ged aige dhe'n sgadan. Bha'n duine coir a dluth sheannachas ris fhéin, agus an gad aig' air a chulthaobh. 'Nuair a chunnaic na balaich e, ruith iad as a dheigh agus thoisich iad air spiolladh an éisg bhar a ghoid, ach tha inntinn an duine bhochd air a thoirt suas cho mor do cheann teagaisg a sheanachais 's nach robh e muthachadh do na balaich idir; agus 'nuair a rainig e dhachaidh cha robh aig' ach an gad air an robh an t-iasg. Bha mi duilich air son an duine bhochd, ach cha b' urrainn mi gun ghàire dheanamh. Tha e coltach gu bheil a thrioblaid fhein air gach aon. Bha dithis dhaoine 'còmhstri uair; an dara fear a deanamh a mach nach robh duine sa' bith toilichte 'san t-saoghal so, agus am fear eile deanamh a mach gun robh, nuair a chunnaic iad amadan a' tighinn nan coinneamh. Thuirt fear dhiu, "Ma tha duin' idir saor bho thrioblaid inntinn tha 'm fear so, oir cha 'n eil an saoghal a cur cùram sam bith air." 'Se bh' ann, 'nuair a thainig e faisg orra, dh'fhoighneachd iad dheth an robh dad a cuir trioblaid air. "Cha'n eil," ars an t-amadan, "ach coileach Frangach a th' aig an lethaid so do dhuine; na rachadh cur as dhasan, bhiodh m' inntinn toilichte." Ach 's ann mar sin a tha, tha 'choileach Frangach fhéin aig gach duine, agus tha'm fhear fhéin agamsa.

Bha mearachd beag anns an litir ma dheireadh a chuir mi g' ur n' iunnsaidh; co dhiu 'se sibhse na mi fhéin a rinn e cha'n eil mi cinnteach. 'Nuair a dh'fhoighneachd mi do niall an robh an damh reamhar, thuirt e gun robh. "Tha," ars esan, 's e sgapadh a dha laimh bho chéile, "bàrr a dha adhairc cho fad sid bho chéile."

Tha 'n t-side gle mhi-fhabharrach air son curachd, leis cho fliuch sa tha i; gidheadh, tha na tuathanaich a' faighainn air aghart riaghailteach math. Tha siol-cuir-gu h-araide buntata-gann, agus mar sin, daor. Ach ruim Domhnull ruadh, an duine coir, fuasgladh air iomadh duine. Bha e toirt seachad tomhas math, aig pris reusanta, agus bha e coma co dhiu bhiodh an t-airgead agaibh 'san laimh no nach bitheadh. Bidh sinn an dochas nach teid esan 'sa phrìosan, co dhiu. Bha duine coir 'san àite so a bha reic beagan buntata. Air aon latha thainig duine bochd a dh' iarraidh baraille buntata, agus dollar aige chuir am Freasdal air; ach gu mi-fhortanach cha robh buntat' ann; theirig e. Ach 'se rium an duine coir chuir e each na chairt agus dh'fhalbh e ma'n cuairt air feadh nan coimhearsnach a dh' iarraidh buntata dha 'n dhuine bhochd, mar dheirce. Bha e 'faighain buiseal, leth-bhuisseal, agus sios gu dusan bho gach duine, gus an d' fhuair e, cha'n e mhain baraille, ach a coig. Thainig e dhachaidh agus reic e baraille ris an duine bhochd air son an airgeid agus ghleidh a na cethir eile gus an d' thainig daoine bochd eile le airgead. Sin agaibh duine math.

Tha mi cinnteach gun do sgrìobh mi gu leòr dheth 'n t-seorsa th'ann. Ma bhios e deiseil ait' fhaighainn 'sa MHAC-TALLA, bhithinn 'nur

comain so a chuir ann; mur a bi, cuireabh 'sa bhascaid mhosaich e,
agus bitheabh coma ciod e their

AN GILLE GLAS.

ANNS AN LION.

LE DONULL MAC CALLUM.

Shaoil an Gille Bàn gur e Calum Brocair a bhrath e, 'n uair a chaidh a ghlacadh ri sealg 's a' Choire liath, ach a chum 'e gu'm bitheadh tuile cothrom aige dioghaltas a thoirt a mach cha do ghabh e facal air. Cha do smuaintich Calum féin gu'n robh amhras aig a Ghill' air agus mar sin cha robh e air fhaicil.

Mu'n d' fhuair an Gille Calum a riobadh na lìon cha mhòr nach tug e suas dòchas gu 'm b' urrainn e sin a dheanadh. Fhuair e mach gu'm bitheadh Calum 's a Bheinn-bhuidhe air latha sònraicht' agus, os ìosal, thug e sanas do Phara nam Feadag, àrd bhuachaile nam fiadh, d' a thaobh.

Air an la 'dh'innis e, thog Para le ghillibh ris a mhona, ach, de 's am bith a chunnaic iad, 'n uair thill iad thubhairt Para ris a Ghille—"An ath turus a chuireas tu mise mar siod air ghogaireachd pàighidh tu glé dhaor air a shon."

An déigh sin srgriobh an Gille gu Captain Goblets a brath air dol a mach Chalum. So an litir a sgrìobh an Captain air ais g'a fhreagairt—`<eng>`"Captain T. Goblets, Esq., C. K. P., sends no compliments to G. Bain, but he warns him to watch himself. The Captain

[TD 407]

[Vol. 6. No. 51. p. 7]

knows Mr. M. Broker too well to believe him guilty of the crime G. Bain impiously lays to his charge."`<gai>`

Aig an àm so bha Captain Goblets deònach air an t-seilg a shuidheachadh agus bha Sasannach mòr, ris an abradh iad Sir Harold Tripod, a bha sealltuinn urr' air aoidneachd aige.

Ghabh an Gille Bàn beachd air na slighean a bha na Sasannaich a gabhail 's a' mhonadh, 's far am bitheadh iad a' gabhail an `<eng>`"lunch.'"`<gai>`

Roimh éiridh na gréine, air là àraidh, dhùisg an Gill' am Brocair agus thubhairt e ris—"Eirich a' Chalum, gun dàil, 's cuir ort. Theid sinn a shealg do 'n Choire-liath an diugh. Chaidh `<eng>`yacht`<gai>` nan Sasannach, an raoir, a mach an loch. Tha Sir Harold dol a thoirt lathan seilg do'n Chaptain a phàigheadh nan

laithein a fhuair e fein air an oighreachd so. Mar sin cha chuir duin' an diugh dragh oirnn." "Glé mhath," deir Calum, "bithidh mise deas an ceart uair."

Le'n gunnaibh air an guailibh, thog na fir ris a mhonadh. Air dhoibh fiadh, trì cearca-fraoich, agus dà fheadag a' mharbhadh aig iarrrtas a Ghille dh'fhadadh iad téine mòr anns an àit' anns am b' àbhaist dha bhi aig na Sasannaich, leis a mhòin' a dh'fhàg iad. Leis na b-eòin a mharbh iad, math ris a chuideachdadh a thug iad leò on tigh chuir iad an òrdadh <eng>lunch<gai> dhoibh féin."

'Nuair a bha gach ni air dòigh, thubhairt an Gille ris a Bhrocair -"Theid mis', a Chalum, agus gabhaidh mi sealladh mu'n tòisich sin air an <eng>lunch.<gai> Fan an sin gus an tig mi." "Ceart gu leòir," deir Calum, "ach na fan fada, oir bith' 'n <eng>lunch<gai> an dolaidh."

Dh'fhalbh an Gille Bàn, agus, luath 's a bheireadh a chasan e, thug e'n cladach air. Thog e seòl ris a' bhàta, 'thug e'n sin an oidhche roimhe, agus bha e aig an tigh mu'n do mhothaich duine dha.

Bha Calum Brocair, air dha bhi 'gabhail fadail nach robh an Gille 'tilleadh, dìreach a tòiseachadh air feadag a laobadh, 'n uair a dh'fhairich e làmh air a leagail, gu faicilleach, air a ghualainn. Air dha sealltuinn a suas, co a chunnaich e ach Captain Goblets na sheasadh làmh ris, le h-uile Sasannach 's gille 'bh'ann mu'n cuairt air!

Mar chloich as an athar thainig e steach air A Bhrocair gu'n do leig e, gu socharach, leig féin a bhi air a bhrath leis a' Ghille Bhan, agus a bhi air a' ghlacadh 's an lion a shuidhich e.

Mu'n d'fhuair e cothrom air lide beag no mor a radh, le òrdadh Chaptain Goblets, bha 'm Brocair air a cheangal agus air a chur air muin eich g'a thoirt air falbh do 'n phrìosan.

LEABHRAICHEAN GAILIG.

Clarsach an Doire, le Niall MacLeoid,

\$1.00

'Na Baird Ghaidhealach, bho 1775 gu 1825, Leis an Urr. A Mac G. Sinclair .35

Orain Iain Luim

.35

Gramar Gailig, le Dr. H. C. Mac 'Illiosa

1.10

<eng>Gaelic Class Book<gai>

.35

Cuirear aon sam bith de na leabhraichean so leis a phosta air son a phris ainmichte.

Sgriobh gu

<eng>J. G. MACKINNON,

Publisher "Mac-Talla,"
Sydney, C. B.<gai>

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B

AN T-AITE
Anns an Ceannaich thu
Suic agus Iarunn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-
taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

THA 'N T-EARRACH
air tighinn 's an Samhradh gle fhaisg air laimh. Ma tha thu air son
Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige
math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

Gabh Deagh Chomhairle
agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle
thoileach a shealltuinn.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-Os cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.

Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c.&c.
SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBASA
aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 408]

[Vol. 6. No. 51. p. 8]

Mar a Sguir Tearlach dhe 'n Deoch-Laidir.

AIR FONN.
S'eigin dhomh gu firinneach
Sgur dhe'n dram,
'S iomadh sgillinn 'mhill mi
Sa chuir mi ann.

'S eigin dhomh, &c.

'S ann air oidhche Challuinn
'Thachair mi air Calum,
Thuirt e rium, "a charaid
Saoil nach gabh thu dram?"

Thuirt mi ris gu sunndach,
"Cha chuirinn air cul e,
'S o'n tha sinn cho dlu dha
Gheibh sinn druthag ann."

Thoisich sinn gu cairdeil,
Air ol nan deoch slainte,
'S o'n bha 'n stuth co laidir
Chaidh e'n 'aird am cheann.

Cha b'fhad' gus an tainig
Tuilleadh anns an aireamh,
Thoisich iad air capraid
B' fhearr nach robh mi ann.

Se thuirt Ruairidh tailleir,
"C'ait am bheil thu Thearlaich
Cha robh thus 'ach garlach,
'S cheanglainn thu gu teann."

Cha robh sud ri eisdeachd,
Rinn am bodach eiridh,
'S ann am bad a cheile
Bha sinn fein air ball.

Ach bu duine Ruairidh
A bha deas aig tuasaid,
'S thainig e mu'n cuairt,
Is bhual e mi 'san sgall.

Bha mi ann mo shineadh
Cho ealamh ri naoidhean,
'S dh' fhairich mi gu cinnteach,
Bigeil ann mo cheann.

Thainig mac mo bhrathar,
A thogail mu thailleamh,
'S chuireadh e ri lar
Am fear a b'fhearr a bh'ann.

Thainig Anna Sheorais,
Leig i air mo sgrobadh,
'S cha chreideadh Iain og,
Gur i mo shron a bh'ann.

'S mise nach robh sona
Le obair na mallachd,

'S cuide ris gach dorran
Bha 'bhoineid air chall.

Sud far an robh 'n upraid
Fhad 'sa dheanadh duirn e,
'S 'aig deireadh na cuise,
Bha mo shuilean dall.

'Nuair a sguir an t' sabaid,
Threoraich iad mi dhachaidh,
Chuir iad mi san leabaidh,
Gu h-airsneulach fann.

Air maduinn am maireach,
Thachair mi air nabuidh,
Thuirt e rium le gaire,
"Thearlaich bithidh tu cam."

Ach 'se cairdeas Chalum,
Agus gaol an drama,
'Choisinn dhomh mo phrannadh,
Anns a bhail 'ud thall.

Sud an obair ghorach
A bhi 'san tigh-osda,
'Toir mo chuid do'n osdair,
Dh' fhag mo phocaid gann.

Mise n'am chuis bhuirte
'G obair air a ghruid ud
S 'e na chuir mi dh'uigh ann
Dh'fhag cho ruisgt' a chlann.

Ach a nis a Mhairi
Caraide no namhaid,
Cha'n fhaic iad gu brath mi,
Ris a cheaird a bh'ann.

Bithidh thu fein 's na paisdean,
Nis sona na bha sibh,
'S cha'n fhaicear do Thearlach,
Le deoch-laidir dall.

Ach faodaidh an t-osdair
Dol a thigh Iain Ghrota,
Cha toir mis an chor dha
Thug mi boid cho teann.

Tha esan cho roiceil
Air chosg an fhir ghoraich
Ach cha chuir mi 'n' corr
Am pocaid Ailein Ghrannnd.

Cha'n eil an cogadh ach a' dol air adhart gu slaodach, agus a reir coltais cha'n eil ni is fhiach gu tachairt an ùine ghearr. Tha daoine a nis air an sàrachadh a' cluinntinn mu na tha na Stàitean agus an Spàinn a dol a dheanamh, agus a feitheamh gus an deanar na tha iad a' bagairt. Tha na soithichean Spàinnteach fhathast air chall, agus cha'n eil fhios c'uin a gheibhear sgeul orra. Tha na Stàitean an deigh saighdearan a chur air tir ann an Cuba, ach ma bha blàr air a chur eadar iad féin 's na Spainntich, cha chualas guth air. An uair a thoisich an cogadh, bha fàidhean nan Stàitean a' deanamh faisneachd nach maireadh e bhar tri seachdainean, ach tha barrachd us aon tri seachdainean air a dhol seachad a nise, agus is gann gu bheil e air tòiseachadh, gun ghuth a thoirt air crìochnachadh. Cha'n eil teagamh sam bith nach toir na Stàitean buaidh air a' cheann mu dheireadh, ach 'se 's dòcha gu mair an t-stri cho fada 's gu'm bi sluagh na dùthcha sin gle shearbh dheth.

AN DA LEIGHEAS

K D C AGUS <eng>K. D. C. PILLS<gai>

Leigsidh iad an da Eucail Mhor

CION-CNAMHAIDH agus TEANNTACHD.

Cuir a dh' iarraidh sampuill, teisteanais us urrais.

<eng>K. D. C. COMPANY, Ltd.,

New Glasgow,<gai> Nobha Scotia.-agus-<eng>127 State St Boston, Mass.<gai>

DH' IARRAMAID AIR

NA GAIDHEIL

's air muinntir eile a tha air son <eng>"Typewriter"<gai> a cheannach, iad a dh' fheuchainn ainm na

Blickensderfer No. 5,

mu 'n ceannaich iad seorsa sam bith eile. A phris, \$35.00.

Tha seorsachan eil againn cuideachd.

<eng>CREELMAN BROS, Typewriter Co.,

15 Adelaide St., East,

Toronto, - - ONT.<gai>

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$3.75 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,

SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN agus BROGAN.

Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn
- 'g an creic-

SAOR! SAOR!

SIDNI, C. B. <eng>JOST BROS.<gai> 13 MAIGH, '98.

[TD 409]

[Vol. 6. No. 52. p. 1]

MAC-TALLA

AN NI NACH CLUINN MI AN DIUGH CHA'N AITHRIS MI MAIREACH

VOL. VI. SIDNI, C. B., DI-HAOINE, 24 IUN, 1898. No. 52.

CLAMBAR NA H-AIRDE 'N EAR.

Is e rioghachd mi-onorach, fealltach a tha ann an Ruisia. Tha, am measg luchd-leughaidh MHIC-TALLA, daoine aig am bheil cuimhne mhaith air cogadh amaideach agus fuilteach a' Chrimea. Dhoirt Breatunn agus an Fhraing fuil an gaisgeach mar uisge, airson comhnadh a thabhairt do na Turcaich mhosach an aghaidh Ruisia. On thainig crìoch air a' chogadh ud, tha Ruisia, gun tamh gun sgios, a' cur na laimhe laidir air cuibhrionn an deigh cuibhrionn de mhor-roinn <eng>Asia<gai> gu leir. Tha seirbhisich an t-Sair no 'n Iompaire aig gach àm dealasach le foill 'us cuilbheartan anns an oidheirp a tha iad a' deanamh, air greim a ghabhail agus fhaotainn air fearann no dùthaich an sud agus an so. An uair a chinneas le seirbhisich an t-Sair le innleachd breugach, air sealbh fhaotainn air port no acarsaid, agus an uair a ni rioghachdan eile gearan cruaidh gu d' rinn Ruisia gnìomh breugach, mi-onorach, their luchd-comhairle an t-Sair gu bheil mulad orra, agus nach tug iad riamh cead do 'n seirbhiseach a rinn an eucoir, doigh co fealltach a leantuinn, agus gnìomh co aingidh agus mi-chairdeil a dheanamh; ach on chaidh an gnìomh a dheanamh ann an ainm Ruisia agus as leth rioghachd mor 'us cumhachdach an t-Sair, feumaidh rioghachdan eile 'bhi samhach, oir cha 'n fhaodar gu brath oilbheum a thabhairt do 'n t-Sair, no teagamh agairt air a' chumhachd agus air na tìrean a bhuineas dha, agus d' am bheil e ann am beachd nan Ruisianach 'n a athair cairdeil, faoilidh, caoimhneil. Is ann air an doigh so 'fhuair Ruisia ceum air cheuna, sealbh air meadhon

<eng>Asia,<gai>agus air gach loch, 'us comhnard, 'us gaineamh a tha faisge air an Fhairge Chaspianach. Bha eagal mor air sluagh lionmhor ann am Breatunn bho chionn beagan bhliadhnaichean, gu robh Ruisia, le dìchioll 'us obair neartmhor, a togail rathad-iaruinn airson ruigheachd air Innsean na h-Airde 'n Ear, agus mar so airson buille trom, eagalach a bhualadh air treoir, 'us ainm, 'us foghainteachd Bhreatuinn anns na h-Innsean ud. Cha 'n 'eil ach talamh bochd, gun sugh gun bhrìgh, lan de ghaineamh luasganach,-dùthaich gun ùrad, no grinneas, no uisge, no blath air bith, anns a' chuid a's modha de 'n cuibhrionn de thaobh mu dheas <eng>Asia<gai> air am bheil uachdaranachd aig Ruisia. Tha Breatunn agus na rìghrean Innseanach a tha ann an dluth-dhaimh dhi, deas 'us ealamh airson iad fein 's an tìr 's an coirean a dhion latha air bith, an aghaidh gach feachd 'us innleachd a's urrainn do Ruisia 'dhealbh. Tha Persia aig an àm so, leis gach laigse 'us droch riaghladh a tha innte, ach beag ullamh a thabhairt suas an deo. Tha suil eudmhor aig Ruisia air Persia. Tha Breatunn mar an ceudna, furachair agus faicilleach mu dheibhinn Persia. Is e bana-choimhearsnach dhluth do na h-Innsean a tha ann am Persia. Is e da rìreadh, faire 'mhadaidh-ruaidh air na caoraich, comas no ughdarras a thabhairt do Ruisia thairis air Persia no air rioghachd bochd no breoite air bith eile. Ma gheibh Breatunn sealbh dhiongmhalta air Persia ni i trocair agus ceartas ris an dùthaich so, a bha co morail, laidir, meamnach anns na laithean a tha 'nis aosmhor, liath. Bheir i mar an ceudna, gu laghach, dileas, aite measail agus inbhe urramach do gach rìgh 'us prionnsa a tha am measg nam Persianach, mar a rinn i, agus mar tha i 'deanamh gach latha, am measg rìghrean uaibhreach nan Innsean: rìghrean a tha sona 's toilichte fo chrùn 'us fo dhidean Bhreatuinn, ged nach 'eil ughdarras air bith aca. Tha iad fathast deigheil air a bhi 'g an sgeadachadh fein le clachan luachmhor 'us le neamhnuidean boillsgeanta. Ruig Ruisia cheana ceann-uidhe 'turuis ann am meadhon <eng>Asia,<gai>agus air taobh an ear de 'n chearna so. Cha ruig neach air bith a leas farmad a bhi air ri Ruisia, ged ghabh i sealbh le laimh laidir air iomadh acair 'us mìle de mheadhon <eng>Asia,<gai>oir cha 'n fhaigh i, an da latha so, riadh mor no beag airson gach airgiod a chosd i ann an ceannach umhlachd nan treubhan iargalta 's ann an togail rathaid-iaruinn troimh iomadh lon 'us clabar, 'us gaineamh mhin, neo-sheasmhach.

Co nach cuala iomradh air Siberia, 's air gach duine 's bean a's abhaist do Ruisia 'aisig gun chead, gun chomhairle, gun aobhar, do 'n dùthaich fhuar, iomallach ud, on bha amharus aig seirbhisich eudmhor an t-Sair nach robh na daoine so dileas umhal gu leoir, agus gu faodadh iad aramach a dheanamh aig àm eiginn an aghaidh laghannan agus riaghlaidh Ruisia. Is iomadh deuchainn chruaidh, mhuladach a dh' fhuiling mìle Ruisianaich ann an Siberia, agus ann an uaigneas doilleir nam meinn-shlochd. Tha eolas a's fhearr a nis r'a fhaotainn air Siberia, no air ceann mu thuath <eng>Asia<gai> gu h-iomlan. Tha feadhainn a chaidh troimh an dùthaich fharsuing, fhiadhaich ud ag innseadh dhuinn, gu bheil pailteas de chomhnardan sultmhor, torach innte, agus gu bheil iasg anns na h-aimhnichean aice, 's gu bheil mar an ceudna, clachan luachmhor agus stòras iomadach eile ann an Siberia. Bithidh, ann an uine ghearr, rathad-iaruinn thairis air Siberia, fo bhaile mor Ruisia, gu ruig na mara samhaich, leathainn,

a tha air taobh thall na h-Asia. Tha againne cheana ann an Canada, rathad-iaruinn gasda 'tha 'nasgadh roinnean Chanada gu daingeann r'a cheile, 'sa fosgladh suas ailleachd 'us beartais nan comhnardan lionmhor, leathunn, lusanach a tha ann an Iar-thuath Chanada. Tha iarrtus mor aig Ruisia air port fhaotainn ri taobh na Fairge Samhaich, far nach bi reothadh no eigh anns a gheamhradh-far am bi an t-uisge no 'n fhairge, gach àm fosgailte, agus a dh' ionnsuidh am faod i a rathad-iaruinn a thabhairt maille ris gach malairt a ghiulaineas e troimh Shiberia, gu tonnan fuaimneach na fairge. Chuir an Ruisianach carach, seolta, breugach, Mornabhieff, le òr an t-Sair, fo gheasaibh luchd-comhairle Iompaire China. Fhuair e mar so aonta air <eng>Port Arthur,<gai> agus air port eile far am bheil an fhairge fosgailte gach latha de 'n bhliadhna. Choisinn e coir do Ruisia air cuibhrionn mhor de thaobh mu thuath China. Tha, gun teagamh, a nis sealbh aig Ruisia air iomadh mìle acair' de thir nan Chineach, agus tha ceud duine gaisgeil 'us foghlumte ann am Breatunn a tha feargach do bhrìgh gu do bhuaidhaich Ruisia le h-òr 'us le cuilbheartan aig Pecin. Tha clambar eagalach a' dol air aghaidh a nis mu dheibhinn China agus na tìre 's na coirean a thug i ann an latha 'h-amaideachd seachad do Ruisia. Ni mi luadh anns an ath litir air a' chlambar so.

CONA.

Tha Breatunn agus an Fhraing a reir coltais an deigh tigh'n gu cordadh a thaobh taobh an iar <eng>Africa<gai>, agus cha'n eil moran duil a nise ri cogadh no aimhreit sam bith a bhi eatorra a dh' aithghearr. Cha mhor dhaoine air an t-saoghal nach dean toileachadh ri sin, oir bhiodh cogadh eadar an Fhraing agus Breatunn 'na ni uamhasach. Cha bhiodh ann an cogadh na Spainn 's nan Staitean ach ni suarach an coimeas ris.

Tha side math fais ann air an t-seachdain so. Tha am fear 's am fochann a' fas gu briagha.

[TD 410]

[Vol. 6. No. 52. p. 2]

SEANA BHEACHDAN AGUS SEANA CHLEACHDAIDHEAN.

LEIS AN URR. IAIN MAC RUAIRIDH.

Anns an àm a dh' fhalbh bha àireamh mhòr dhe 'n t-sluagh anns gach cearn dhe 'n t-saoghal a' làn-chreidsinn gu 'n robh sìthichean ann, agus gu'n robh àiteachan-comhnuidh aca fo gach cnocan dòidheach uaine a bha anns gach àite bu shàmhaiche 's a b' iomallaiche na chéile a bh' anns an t-saoghal. Tha e 'na ni glé iongantach gu'm biodh a leithid so de bheachd cho cumanta am measg gach sluaigh fo 'n ghréin.

Tha iomadh neach beò gus an latha 'n diugh a tha gu làidir a' cumail am mach gu 'n robh sìthichean ann 's an àm a dh' fhalbh ged a tha iad ag aideachadh nach 'eil iad a nis ri 'm faicinn. Ach ma bha iad air an talamh 's an àm a dh' fhalbh, c'àite an deachaidh iad, no ciod a dh' éirich dhaibh? Mu'n toir sinn oidhirp air na ceisdean so a fhreagairt feumaidh sinn an toiseach oidhirp a thoirt air cunntas a thoirt seachad mu thimchioll cò iad, agus cia mar a thachair dhaibh a bhith air an talamh.

Cha'n 'eil teagamh nach rachadh aig gach sluagh a bha 'creidsinn gu'n robh sìthichean ann air cunntas a thoirt seachad mu 'n timchioll, ach tha aobhar againn a bhith 'creidsinn nach b' ann air an aon dòigh a dheanadh iad so. Mar a thachair dhaibh a thaobh chùisean eile, bha cinnich an t-saoghail a dh' atharrachadh barail mu'n chùis so.

Cha robh na Gàidheil riamh air dheireadh air sluagh sam bith eile ann a bhith 'toirt am barail seachad mu gach ni iongantach a bhiodh iad a' faicinn 's a' cluinntinn mu 'n cuairt dhaibh. Mar shluagh, bha iad comasach air smaointeann iongantach a dhealbh 'nan inntinnean a thaobh móran nithean. A thaobh nan sìthichean, bha na Gàidheil a' creidsinn, ged a bha iad ann an cruth 's an coslas dhaoine, agus ann an iomadh dòigh a' tighinn beò mar a bha daoine, nach bu daoine nàdarra a bh' annta idir. Bha iad a' creidsinn gu'm b' iad na sìthichean earrann dhe na h-ainglean a thuit o 'n ceud inbhe, agus ged a lean iad prionnsa an dorchadais an uair a dh' fhuadaicheadh am mach a nèamh e, a chionn gu 'n d' rinn e ar-am-mach an aghaidh Dhé, nach robh de chionta ri chur as an leith ach gu 'n do lean iad e gun smaointean ciod a bha iad a'deanamh. A chionn nach robh an cionta ach beag an coimeas ri cionta na h-àireimh mhòir eile a thuit o 'n ceud inbhe, an àite an druidéadh a steach ann an ionad a' bhroin 's na truaighe mar a rinneadh air na h-ainglean a bha na bu chiontaiche na iad, is ann a dh' fhuadaicheadh a dh' ionnsuidh na talmhainn iad, far an robh aca ri bhith 'gabhail comhnuidh gu là a' bhreitheanais.

Ach cha b' e so uile am peanas a chaidh a leagadh orra. Ann an iomadh dòigh thugadh uapa mòran dhe'n saorsa. Ged a bha na h-àiteachan-comhnuidh a bh' aca anabarrach mòr, farsuinn, agus ged a bha iad, a réir choltais, a' sealbhachadh gach ni a bhiodh feumail dhaibh, gidheadh, bha e soilleir do gach neach a chuir eòlas orra, no a chuala mu 'n déidhinn, nach robh iad tòilichte le 'n staid. Cha b'e mhàin gu 'n robh biadh is aodach gu leòr aca, ach bha iad a' cur seachad mòran dhe'n ùine leis gach subhachas is toil-inntinn a mhiannaicheadh iad. Bha 'n solus bu bhoillsgeile a chunnaic sùil duine riamh aca 'nan àiteachan-comhnuidh; bha'n ceòl bu bhinne, a chuala clus riamh aca; agus a réir mar a chuala sinn, bha iad anabarrach déidheil air a bhith 'dannsa. Shaoileadh daoine gu 'm bu chòir dhaih a bhith anabarrach toilichte le 'n staid; oir cha robh a bheag de thrioblaidean cumanta na beatha so a' cur dragh' orra. Bha àiteachan-comhnuidh tioram, seasgair, blàth aca; cha robh éis bìdh no aodaich orra; bha iomadh seòrsa toil-inntinn aca; cha robh iad riamh air an sàrachadh le obair thruim; cha robh màl no cìs aca ri pàigheadh; cha chuireadh maor, no bàillidh, no uachdaran dragh no

tuairgneadh orra aig àm sam bith; a dh' aon fhacal, cha robh creutair beò air an talamh a bha cho saor o dhraghannan, 's o thrioblaidean, 's o amhghairean, 's o chùraman na beatha so riutha. Ach ged a bha 'chùis mar so, bha farmad gu leòr aca ris na daoine bu bhochdainne crannachur a bh' air an talamh gu léir.

C'ar son a bha so mar so? Bha, do bhrìgh gu'n robh iad ag amharc orra fhein mar phrìosanaich aig nach robh dòchas sam bith gu'm faigheadh iad an saorsa gu bràth.

Tha eachdraidh ag innseadh dhuinn gu'n do thachair nithean iomadh uair air an talamh a tha nochdadh dhuinn c'ar son a bha na sìthichean mi-thoilichte le'n staid. Aig àm cogaidh, an uair a tha rìgh no prionnsa air a ghlacadh, agus a shaorsa mar rìgh no mar phrionnsa air a toirt uaithe, ged a b' i an lùchairt bu mhò 's bu mhaisiche a bhiodh air an t-saoghal a b' àite comhnuidh dha, gidheadh, bhiodh e gu nadarra ag amharc air fhein mar phrìosanach, eadhoin ged a bhiodh a bhiadh is aodach 's a leaba cho math 's a bha iad latha riann 'na bheatha, agus ged a bhiodh e air a chuartachadh le greadhnachas ro mhòr, agus a' faotainn gach frithealaidh air am biodh a leithid dligheach.

Cha'n 'eil ni anns an t-saoghal a's luachmhoire ann an sealladh duine na saorsa. Cha toir ionmhas an t-saoghail gu léir, ged a bhiodh e aig duine, fìor shonas dha, ma bheirear a shaorsa uaithe. Agus iadsan aig nach 'eil dòchas gu'm faigh iad saorsa aimsireil no spioradail, cha'n 'eil e 'na ioghnadh ged a bhiodh iad mi-shona.

A réir mar a chuala sinn, bha na sìthichean ann an iomadh dòigh coltach ri daoine an t-saoghail so 'nan cruth, 'n an nàdar, 'n an aignidhean, 'n am miannan, agus 'n an cleachdaidhean. Bha tlachd gu leòr aca do chuid dhe'n chinne-daon, agus a bha iomadh sgeul air aithris mu thimchioll a' chaoimhneas a bha iad a' nochdadh, agus an fhrithealaidh a bha iad gu tric a' deanamh do dhaoine. Cha bhiodh mòr-fheum dhuinn aig an àm so iomradh a thoirt air gach sgeul a bh' air aithris mu'n déidhinn, eadhoin ged a bhiodh iad air chuimhne againn.

Ach tha 'chuis coltach gu'n robh iad fo fhiachan obair a dheanamh air làithean àraidh, 'nan cuirteadh mu'n coinneamh e, ged nach biodh toil sam bith aca làmh a chur innte. Faodaidh sinn aon naigheachd innseadh mu dheidhinn so.

Bha duine àraidh air taobh an iar Uidhist mu thuath do 'm b' ainm Fearachar. Bha 'n duine so, mar is minic a bha fear a bharrachd air, 'na dhuine leasg, somalta nach deanadh mòran obrach nam faigheadh e daoine eile a dheanadh air a shon i. Anns a' gheamhradh chuir e cruach mhath arbhair a steach do'n t-sabhail. Thachair dha radh, gu'm b' fhearr leis gu'n robh a h-uile sìthiche a bh' anns an t-sithean a bha faisge air a' bhaile anns an robh e aige gus gu'm buaileadh iad an t-arbhar dha. Chuala na sìthichean e, oir tha e coltach gu'n robh claisneachd mhath aca. A bharrachd air so, tha e coltach gu'n robh comas aca air a bhith làthair am measg dhaoine ged nach robh e comasach do dhaoine am faicinn.

A nis, tha e air aithris gu'n robh aon latha 's an t-seachdain air am feumadh iad obair sam bith a dh' iarrteadh orra a dheanamh, co dhuibh a bhiodh iad toileach no nach bitheadh. B' e'n latha so, mur do mheall mo chuimhne mi, Di-sathairne. B'e so an latha air an do thachair do Fhearachar an òrdachadh. Agus cha bu luaithe a dh' òrdaich e iad na thainig iad 'nan ceudan gu dorus an t-sabhail, agus iad uile a' glaothaich "Obair, obair, 'Fhearachair."

Ghabh Fearachar an t-eagal an uair a chunnaic e na thainig dhuibh. Bha fhios aige gu'n robh a bheatha ann an cunnart mur tugadh e obair gu leòr dhaibh an déigh dha an òrdachadh. An uair a leig e steach do' t-sabhal a' mheud 's a shaoileadh e a gheibheadh àite gu leòr ann gu bualadh an arbhair, thuirte e ris an fheadhain a b'fhaisge air an dorus, "Cumaibh am muigh na bhios ag iarraidh tighinn a steach, agus cumaibh a staigh na bhios ag iarraidh a dhol am mach."

Chuir Fearachar na fir a bh' anns an t-sabhal gu obair. An àite an cur a bhualadh mar a bha dùil aige dheanamh, is ann a thug e orra teannadh ri spiolaidh an t-sìl bhar an fhodair. Bha iad ann cho lionmhor, agus bha iad cho ealanta air an obair 's nach robh iad ùine mhòr sam bith ris an obair a bh' aca ri dheanamh. An déigh dhaibh an siol a thoirt uile bhar an arbhair, thug e orra am fodar a chrathadh 's a cheangal. An uair a bha iad ullamh dhe so, thug e orra an siol a chathadh le'n anail. Mu dheireadh bha'n obair a bh' aige ri dheanamh deiseil. Thug iad uile an aon ghlaodh asda, ag ràdh, "Obair, obair, 'Fhearachar."

A nis, mur faigheadh iad obair gu leòr uaithe, bheireadh iad a bheatha dheth. Ach ged a bha Fearachar leasg, bha e gle'

[TD 411]

[Vol. 6. No. 52. p. 3]

ghleusda, mar is minic a bha fear dhe 'sheòrsa. An uair a chunnaic e gu'n robh iad air thuar a dol an sas ann gus a mharbhadh, dh' òrdaich e dhaibh a dhol a dh' ionnsuidh a' chladaich, agus sugan gaineamhaich a dheanamh. An uair a chual' iad so, dh' fhalbh iad gu bog, balbh, agus cha'n fhaca e riamh tuilleadh iad.

Ged a bha na sìthichean mar bu trice deas gu cuideachadh a dheanamh le daoine a bhiodh 'nan eiginn, gidheadh bha iad goimheil, gamhlasach gu leòr an uair a chuirteadh corruich orra. Cha robh ni bu mhò a chuireadh de chorruich orra na bhith 'gan caineadh air chùl an cinn. Cha bhiodh e sàbhailte aon fhacal a ràdh mu'n déidhinn aig àm sam bith. Mar a dh' ainmicheadh mar tha, rachadh aca air a bhith làthair ann an iomadh àite ged nach biodh e an comas do dhaoine am faicinn. B'e so aon de na cumhachdan a dh' fhàgadh aca an uair a dh' fhuadaicheadh a dh' ionnsuidh na talmhainn iad. Tha 'n t-ainm a bh' aig daoine orra 'g a dhearbhadh so. B'e "sithichean," no "daoine sìthe," no "daoine matha," a theirteadh gu cumanta riutha. Cha tugadh na h-ainmeannan so oilbheum sam bith dhaibh.

A reir mar a chualas, tha e coltach gu 'n robh aon latha 's an seachdain air am faoidteadh labhairt le tàir agus le suarachas mu'n déidhinn. B'è an latha so, Di-haoine. Mar a theiretadh gu cumanta, "Is e'n diugh Di-haoine 's cha chluinn iad sinn." Gun teagamh sam bith, 'nan tachradh dhaibh a bhith làthair gu corparra, chluinneadh iad cìod a theireadh daoine mu 'n déidhinn. Ach air Di-haoine cha robh e'n comas dhaibh iad fhein a dheanamh neo-fhaicsinneach. A reir barail dhaoine, b' ann a chionn gu'n do cheusadh Criosd air Di-haoine a chaill na sìthichean an comas a bh' aca air làithean eile air iad fhein a dheanamh neo-fhaicsinneach. Air an latha ud thug Criosd le a bhàs buille-bhàis do chumhachdan an dorchadais; agus o'n a bhuineadh na sìthichean do rìoghachd an dorchadais, dh' fhairich iad a' bhuille gu trom, gu sonraichte air a h-uile Di-haoine.

Tha mòran a bharrachd air aithris mu thimchioll nam mnathan na mu thimchioll nam fear. Bhiodh na fir tric gu leòr ag obair aig daoine, an uair a dh' òrdaicheadh daoine iad mar a rinn Fearachar, agus iomadh fear a bharrachd air. Ach bhiodh na mnathan gu math tric ri 'm faicinn ann an iomadh àite, agus bha iad a' cheart cho deas gu cuideachadh is comhnadh a dheanamh le daoine a bhiodh 'nan éiginn 's a bha na fir fhein. Cha'n 'eil e'n comas dhuinn a bheag a ràdh mu thimchioll cruth is coslas nam fear. Ach is e bharail na muinntir a dh' innseadh na b' aithne dhaibh mu'n déidhinn, nach robh annta ach daoine beaga, meata, air nach robh maise no tlachd mòr sam bith ri'm faicinn. A réir choltais gu'n robh cuid dhuibh air am faicinn ann an riochd fìor sheann daoine. Ach cha chualas riamh gu'n d' fhuair a h-aon dhiubh bàs leis an aois. Ach ma bha h-aon dhe na mnathan-sìthe air an robh coltas aosda, cha do leig iad iad-fhein fhaicinn riamh do shluagh an t-saoghail so. An dara cuid bha iad aig gach àm a' fuireach anns na sìtheanan, air neo bha iad 'g an cur fhein ann an riochd mhnathan òga.

Cha robh a h-aon dhe na mnathan-sìthe, cho fad 's is aithne do dhaoine, 'n am boirionnaich dhuaichnidh. Bha iad uile dìreach, deas, dealbhach, agus glé sgiamhach ri amharc orra. Cha mhò a chualas gu 'n robh a h-aon dhiubh riamh trom ann am feoil. Cha'n fhacas riamh air a h-aon dhiubh ach trusgan uaine. Agus cha mhò a chunnacas àireamh mhòr dhiubh comhladh riamh. An àm do dhaoine bhith 'g innseadh gu'm faca iad té dhiubh, theireadh iad, gu'm faca iad "bean chaol a' chòt' uain."

Cho fad 's is fhiosrach daoine, cha chualas riamh gu'n do thuit aon de mhnathan an t-saoghail so ann an gaol air sìthiche. Is cinnteach nam biodh iad 'nan daoine dreachar gu'n tuiteadh te fhaoin air choireiginn ann an gaol air fear dhiubh; oir tha cuid de bhoirionnaich ann a tha cho faoin 's gu 'n gabh iad gaol air fear sam bith. Ach is dòcha nach robh na boirionnach cho faoin 's àm a dh'fhalbh 's a tha iad anns an àm so.

Ach ma's fhìor na chuala sinn, thuit iomadh fear ann an gaol air na mnathan-sìthe, agus phòs cuid dhiubh iad. B'ainneamh a bha fear riamh toilichte an déigh dha bean-shithe a phòsadh, eadhoin ged a bhiodh gaol anabarrach mòr aige oirre mu'n do phòs e i. Cha d' rinn

té dhiubh bean-taighe mhath riamh. Bhiodh iad cho neo-steidheil 's nach fhanadh iad aig na taighean. Cha bhiodh iad toilichte mur biodh iad a' falbh o àite gu àite mar a tha cuid dhe na mnathan guanach, neo-stéidheil a tha cho pailt anns an t-saoghal gus an latha 'n diugh. Rud eile dheth, cha do rug 's cha d' àraich bean-shithe sliochd riamh.

Cha 'n 'eil cunntas againn gu 'n robh na sìthichean a' pòsadh 'n am measg fhein idir. Cha chuala sinn ciod a b' aobhar dha so, ach tha chùis coltach gu'n robh e fìor gu leòr.

(Ri leantuinn.)

AN TAILLEAR AGUS NA BUIDSICHEAN.

"Bha e urramach 'n a thaillear."—Donnachadh Ban.

Mur biodh na taillearan gu nadurra cridheil, aighearach, cha bhiodh an sean-fhacal a' cur "Ciad taillear gun bhi sunndach," am measg nan nithean sin a bha e doirbh, no eadhon eucomasach, 'fhaotainn. Faic an taillear an uair a gheibh e mach air dorus an tighe! An saoil thu an teid e a ghabhail a chuairt gu h-athaiseach, ciallach, cho socair ri fear air tiodhlacadh? Mo chreach! is e nach teid! Is ann a chi thu e a' toirt nan sìnteg 's nan surdag as thar an reidhle. Cha chum rathad-mor no callaid ris—cha 'n fheith e ri bhi 'fosgladh cachaileidh no 'streap garadh-tota, ach m' an abradh tu "Seachd," tha e thairis orra le duibh-leum cho aotram luth-chasach ri earbag nan tom. Is ann a bheir e am chuimhne—se mart a bhios 'g a beathachadh a stigh fad a' gheamhraidh, a' chiad uair a gheibh i mach air maduinn chubhraidh earraich. Faic i 's a sailtean os cionn barr a breamain, a' cur nan car dhi—a ceann 's a h-earr ri adhar uair mu seach! Agus nach 'eil so gu leir mar a bhiodh suil againn, agus mar a bu choir dha? Tha e cheart cho nadurra do 'n taillear, no do fhear sam bith a tha air a chrubadh a suas ann an tigh fad fin-foineach an latha, e fein a ghiulan air a' mhodh so, 's a tha e do 'n bho bhochd nach fhaca grian no speur fad a' gheamhraidh. Tha doigh no dha ann air anail a leigeil agus fois a ghabhail,—direach a reir na dreuchd no na h-oibre a tha aig neach. Ma 's gobhainn, no fear aig am bheil obair throm, ghoirt, a tha ann, is solas agus faochadh dha suidhe am measg a theaghlaich 's an fheasgar an uair a tha 'obair seachad, no eadhon ceum a ghabhail, le 'bhalachan aige air laimh, a dh' fhaicinn ailleachd agus maise na cruitheachd. Ma 's cleireach no maighstir-sgoile a tha ann, gabhaidh e 'anail rud-eigin mar a ghabhas an taillear, no ma dh' fhaoidte, ann an tilgeil a' chabair no na cloiche-neirt. Mar so chi sinn nach e idir dith saothaire no oibre a bhi gabhail fois, ach iomadh uair gur e muthadh oibre, an fhois a's fearr agus a's freagarraiche do dhuine. Thug ar sinnsearan an aire do 'n ni so, oir, nach d' thuirt iad anns na sean-fhacail, "An uair a bhios Murchadh 'n a thamh bidh e 'ruamhar," agus, "Faochadh gille 'ghobhainn,—bho na h-uird gus na builg."

Cha 'n e mhain gu 'm bheil na taillearan an coitcheannas aotram, uallach 'n an giulan ach cha 'n 'eil daoine ann is sunndaiche no is

toighiche air amhuiltearachd a's a' h-uile gne fhearas-chuideachd,- agus co bheir barr orra air na h-orain?

Is math a tha cuimhne agam an t-eagal a bhiodh oirnn, a's sinn 'n ar clann bheag, an uair a thigeadh an taillear, Donnachadh Mac Neill- agus bu chridheil, laghach e-a dh' obair do 'n tigh againn. Cha b' urrainn tuilleadh fiamh a bhi oirnn roimh leomhan beucach na bhiodh oirnn ar sron a chur a stigh air an dorus far am biodh e ag obair; agus cha chuireadh urchair á gunna tuilleadh geilt oirnn na chuireadh esan, an uair a dhuineadh e an siosar-mor le fead, na 'n tigeamaid dluth air. An deigh sin uile cha 'n iarramaid e dh' fhalbh. Cha 'n fhaigheamaid o cheann gu ceann d' an bhliadhna àbhachd a b' fhearr na bhi ag éisdeachd ris ag innseadh na chunnaic 's na chual' e air a thurais, agus b' iomadh sin, oir, "bu lionmhor tubaist an tailleir."

Bha aig an taillear gille òg, ris an abair sinn Cailein, ag ionnsachadh a cheird, agus cha 'n iarradh Donnachadh 'n a b' fhearr na bhi a' toirt a' char á Cailein, agus a' cur ghnothuichean neo-chomasach mar fhiachadh air; agus sin uile gun urad agus smeid-

(Air a leantuinn air taobh 414.)

[TD 412]

[Vol. 6. No. 52. p. 4]

MAC-TALLA.

A PHRIS.

Bliadhna, . . . \$1.00

Sia miosan,50

Tri miosan,25

Tha 'phris ri bhi air a pàigheadh toiseach na bliadhna.

Cuirear am paipear gu luchd-gabhail am Breatuinn, an New Zealand 's an dùthchannan eile air son \$1.52, neo 6s. 3d. 'sa bhliadhna.

Thugadh iad-san a bhios a sgrìobhadh Gailig g' ar 'n ionnsidh an aire nach sgrìobh ad ach air aon taobh d' an duileig, agus nach bi an sgrìobhadh tuilleadh us meanbh.

Biodh gach litir us eile air a seoladh gu,
<eng>J. G. MacKINNON,
Publisher 'Mac-Talla,'
Sydney, Cape Breton<gai>

SIDNI, 24 IUN, 1898.

BUILLE ANNS GACH AONA CHRAOIBH.

FHIR-DHEASACHAIDH CHOIR:—Tha e 'cuir iomacheist mhor air cuid, co e 'n "Gille Glas." Choinnich Eoghan orm bho chionn ghoirid, m'a bheil na h-oidhche, agus a chiunn nach do dh' aithnich mi e, Chuir mi mar fhailt air, "An tu 'so, a Raonuill," Fhreagair e. "Cha mhi; mise th'ann." Ach sin mar tha ma'n "Ghille Ghlas;" 's mis' e. Agus air son gun aithnich a chuile duine mi faodaidh sibh innse dhaibh gu bheil beul mor orm a ruite air tarsuinn m' aodain, eadar mo shron agus mo smig; coltar gasda do shroin fos cuinn mo bheoil; da shuil mhor ghlas, té air gach taobh dhe mo shròin, 's iad fosgailte 'm bitheantas, gu h'araid air an latha. Tha feadhain a deanamh a mach eadhon 'nuair a bhios mi 'm chadal gum bi te dhe'n shùilean fosgailte, car mar a bhios an <eng>dog.<gai> Os ceann mo shuilean tha bathais leathunn, bhriagha. Le mo ghabhail bhar a chéile tha mi 'm dhuine tlachdair, agus a cheart cho math ri duine dubh, ach gu bheil mise geal, gu bheil mi measara, agus gu bheil mi 'cumail mo shròine glan. Ach carson nach aithnich iad mi? Nach eil mo chomharradh am chois? Co dhiu tha no nach eil 's mi 'n Gille Glas, agus cha'n 'eil nàir' orm á ainm. Ach ma bhios tu ri ni sa bith nach math leat a chluinntinn, "nuair a chi thu 'n Gille Glas, tar as, tar as." Tha 'n tubaist orm le luathair a bheòil.

Tha Mac Iain air sealltainn suas 'nar measg arithisd. Tha e coltach gu feum sinn déirc naisg gus e fhein sa rud a tha comhladh ris a chuir air falbh, se sin mar a falbh am fear beag leis a bhòsd.

Tha bruidhin an drasdà gu bheil <eng>John Bull<gai> 'sa cheann am bruaich a' burach ris an Fhraing. Ma thoisicheas cogadh nach ann agam a bhios mo chridhe 'falbh sios do Sheticamp le mo chuaille gasda de bhata, a chnuacadh nam Frangach. Na builg bhuidhe 's mise bheir orr' e. Tha mi creidsinn gur gann a thiarneas <eng>Medrick<gai> san dol seachad. Bha sinn a bruidhain air an chogadh an la roimhe, agus dh'fhoighneachd Eoghan co bha dol a chogadh. Thuirt mi fhein, bho'n is mi 's luaithe bial gun robh na Breatunnaich agus na Frangaich. Fhreagair Eoghan gu grad, "Sa bheil guth idir air muinntir na h-Aimhne Rosaich." Feumaidh mi beagan innse dhuibh mu Eoghan bho'n thug mi tarruinn air. 'Se duine neo-chiontach a th' ann, ach gun fhios dha fhein their e facail gheura corr uair, agus facail air gle bheag tùir uairean eile. Bha e 'n cuideachd bho cheann ghoirid a bha bruidhinn air an rathad iarrainn a thatar dol a thogail eadar an Gut is <eng>Broad Cove,<gai> Bha cuid ag rathainn nach rachadh a dheanamh idir, agus cuid eile gu'n rachadh. "Leigeabh seachad e," arsa mi fhein; "chi 'm fear is fhaide saoghal co dhiu theid na nach theid." Co fhreagair ach Eoghan. "Tha iad ag rathainn," ars esan, "am fear is fhaide saoghal gur h-e 's mutha bial." "Ud Eoghain bhoichd," arsa mise, "tha eagal orm nach eil thu uile ann." "Tha," ars Eoghan, "na bh' ann riabh dhìom mar eil an corr." Fhuair e uair uan aig othaisg; thainig e stigh agus dh'innis e do Ronull gun d'fhuair se e. "An ann fireann a tha e," arsa Ronull. Fhreagair Eoghan, "Coltach nach eil e fireann fhathasd co dhiu 's e cho bideach." Choinnich e orm uair agus cot' ur glas air. "An e aodach <eng>factory<gai> tha sin Eoghain," thuirt mi. "Cha ne," ars Eoghan; aodach cloimheadh a th' ann." Theagamh gun d' thuirt mi gu leor ma Eoghan air an turus so.

Nuair a bha mi sa cheanna bhaile chunnaic mi duin' iongadach ann. Bha'n dara taobh dhe aodann cho dubh ri cul an t-similair; agus an taobh eile, dubh cuideachd. O! se bha grannda. Ach ma bha esan grannda, siomadh aghaidh bhoideach a chunnaic mi; nighneagan donna boidheach a bhaile, 'sa chuill te dhiu cho sgiobalta, grinn, a ceum cho uallach, 's i 'n dùil gun robh a chuile sùil a stiùireadh ga h-iunnsaidh fhéin. Ach bha mise 'cuimhneachadh air an te dh' fhàg mi na mo dheigh. Bha na facail a thuir Uilleam Ros air an òran a tighinn an còmhnuidh fa chomhair m' inntinn,

"Ged a chithinn mile te,
'Si Mòrag fhéin is bòidhche."

Si 's bòidhche, co dhiu, na 'n te bhios Ailean a molladh, geda tha i lughach gu leòr. Slan leibh an dràsda. Cha sgrìobh mi tuilleadh gus an ath turus; agus mar a bi naigheachdan agam cha sgrìobh mi 'nuair sin fhéin. 'S mi ur caraid mor, briagha, ban,

AN GILLE GLAS.

Bha coinneamh mhòr ann an Eirinn air a' choigeamh latha fichead dhe'n Mhàigh, coinneamh a tha gu bhì ann gach samhradh an deigh so, agus a tha co-ionnan ris a' Mhòd a tha aig na Gàidheil na h-uile foghar. Is e 's ainm do'n choinneimh Eirionnaich "An t-Oireachtas," agus bha i air a cumail a cheud uair an uiridh. Bha Oireachtas na bliadhna so gu math air toiseach air coinneamh na bliadhna 'n uiridh ann an iomadh dòigh. Bha àireamh bheag de bhul a Chomuinn Ghàidhealaich a làthair, agus rinneadh fàilte 's furan riutha. Bheir sinn an òraid a liubhair iad seachad anns an ath àireamh. Tha sinn a guidhe siorbheachadh leis an Oireachtas, agus leis gach dòigh eile a tha muinntir na h-Eirinn a' gabhail gu seann chainnt na dùthcha a chumail beò.

TAILLEARACHD.

Deiseachan matha air an deagh chumadh riut 's air an sar dheanamh, eadar \$10.00 us \$25.00, a reir an aodaich.

Cloth Choves, Cloth Chlondaic, Clothan Canadach, Albannach agus Sasunnach.

TRIUBHSAIREAN BHO \$3.00 SUAS.

Niall Mac Coinnich,
Sidni, C. B.

<eng>C. H. HARRINGTON & CO.<gai>
Flur, Min, Ti agus Siucar dhe 'n t-seorsa 's fhearr.
Soithichean Glaine agus Creadha, math agus saor.
Brogan, Botainnean, <eng>Rubbers<gai> agus Caiseart de gach seorsa
'GAN CREIC SAOR.

BATHAR CRUAIDH.

Tha mi a nise 'cumail Bathar Cruaidh dhe gach seorsa, agus ma tha Sabh, Tuagh, Locair, Glas, Sgian, no Tairnean a dhith ort, feuch gu 'n taghal thu orm. Tha mi, mar a b' abhaist, a' creic Pant, Olla, <eng>Varnish, Putty,<gai> Glaine, Paipear-balla agus gach ni eile air son do thigh a dheanamh seasgair agus briagha. Tha mi 'creic gach ni gle shaor.

AONGHAS MAC LEOID,
Sidni, C. B.

H. D. Mac Ille-Mhaoil,
<eng>Stewartdale, C. B.
Cloth,<gai> Drogaid, agus Plaideachan "Eureka."
Mu dheich air fhichead seor sa aodaich 'ga chreic.
Cloimh air a gabhail an coinneamh Aodaich.
MA tha thu air son aodach math deise fhaotainn saor, taghail aige neo sgrìobh uige.

[TD 413]

[Vol. 6. No. 52. p. 5]

NAIDHEACHDAN.

Sgaoil an Ard-Phàrlamaid air an treas latha deug dhe 'n mhios, an deigh dhi bhi cruinn fad cheithir mìosan gu leth.

Chaochail Sir Adolphe Chapleau ann am Montreal, toiseach na seachdain s'a chaidh. Bu duin' e a bha gle ainmeil beagan bhliadhnaichean air ais, ann an cùisean riaghlaidh Chanada. Bha e fad cheithir bliadhna 'na Riaghladair air Cuibeic.

Tha a' mhèinn ghuaile ann am <eng>Broad Cove<gai> ag obrachadh gu bras; tha mu shia fichead duine ag obair innte, agus iad a' faighinn an tuarasdail gu riaghailteach na h-uile oidhche Di-satharna. Tha taighean air an cur suas do na mèinneadairean, agus tha choltas air an àite gu 'n dean e fàs, agus gu 'm bi e na àite anns am bi moran obrach a' dol air adhart an ùine gun bi fada.

Tha Mr. E. T. MacKeen an deigh a dhreuchd anns an Ard Sgoil 'sa bhaile so a leigeadh uaithe. Tha e 'na fhear-teagaisg anns an sgoil sin o chionn àireamh mhor bhliadhnaichean, agus bidh iadsan a fhuair earrann de 'm foghlum uaithe gle dhuilich a chluinntinn gu bheil e 'cur roimhe sgur a theagasg. Tha sinn a' guidhe soirbheachadh a bhi leis ge b'e de 'n gnothuch ris an teid e.

Chaidh fear Màrtuinn Hogan a bhàthadh ann an dama muillne, mu ochd mìle mach á Baile-Shearlot, E. P. I., 'sa mhaduinn Di-satharna s'a

chaidh. Bha e fhéin agus daoine eile ag iasgach bhreac; chaidh esan a mach am meadhon na dama air ràth; thuit e dheth, agus o nach b' urrainn dha snàmh, chaill e a bheatha. Fhuair e a chorp ann an ochd troidhean de dh' uisge. Bha e còig bliadhna deug air fhichead a dh' aois.

Tha na naigheachdan a tha tighinn a thaobh a chogaidh gle dhoirbh an innse; tha iad ro lionmhor, agus am bitheantas do-chreidsinn. Ach tha e coltach gu bheil an t-arm Geancach an deigh faotainn air tìr ann an Cuba agus gu bheil iad a' faotainn buaidh air an arm Spainnteach. Tha na daoine a bh' air bòrd an t-soithich bhig a chuir na Geancaich fodha ann an acarsaid Santiago air an cumail nam prìosanaich aig na Spàinntich, agus tha cùram air moran m' an timchioll; tha cuid de'n bharail gu'n deach am marbhadh, ach cha'n eil sin coltach, neo tha na Spàinntich na's miosa na'n cliù. Tha an cogadh a' cosg da mhuillean dolair 'san latha do na Stàitean, agus cha'n eil i fhathast deiseil gu dhol a chogadh mar bu chòir dhith.

Chaochail Mr. E. T. Moseley, Q. C., anns a' bhaile so, a sheachdain gus an diugh. Cha robh e tinn ach gann seachdain, agus cha robh duil nach rachadh e am feobhas gu uine ghoirid romh 'bhàs. Bha e 'na dhuine a dh' ionndraineas am baile gu mor; bha e 'na fhear-lagha tapaidh, agus a bharrachd air a bhi frithealadh air cùisean a bhuineadh do 'n lagh, bha e 'cur air adhart gnothuichean eile o àm gu àm, agus bha dreuchdan urramach air am buileachadh air uair no dha. Bha e àireamh bhliadhnaichean ann am pàrlamaid Nobha Scotia, agus bha e fad cheithir bliadhna 'na <eng>Speaker,<gai> no 'na cheann-suidhe air a' Pharlamaid sin. Anns a' bhliadhna 1890, bha e 'na Ard-Bhàillidh air a' bhaile so. Bha e o chionn àireamh mhiosan air ais a' cur mu dheibhinn cuideachd làidir fhaotainn gu mèinn ghuail air an robh còir aige, fhosgladh agus obrachadh, agus cha 'n eil teagamh, na 'n robh e air a chùmhachadh nach biodh sin aig air a dheanamh an ùine gun bhi fada. Bha e air a thiodhlacadh aig trì uairean feasgar na Sàbaid, agus lean aireamh mhor sluaigh an giùlan dh' ionnsaidh an àit-adhlacaidh. Dh' fhag e bantrach, trìùir ghillean, agus aon nighean, a tha pòsda ris an Urr. Uilleam Calder, ministear Mhira. Cha bu duine sean e idir; cha robh e ach 53 bliadhna dh' aois.

Bha fear Fearchar Mac Neill air a mharbhadh le tuiteam guail ann am meinn an Dominion, a sheachdain gus an de, Bhuineadh e do <eng>St. Peter's,<gai> agus bha e aona bliadhna deug air fhichead a dh' aois.

Bidh na sgoilean air an dùnadh an ùine ghoirid, agus bidh cothrom aig an luchd-teagaisg 's aig na sgoilearan air sgiths na bliadhna a leigeil dhiubh. Is obair gle chuingeil an sgoil, agus an deigh a bhi saothreachadh gu dian fad na bliadhna chaidh seachad, tha 'na maighstirean agus na sgoilearan gle fheumach air a bhi saor fad mios ann an teas an t-samhraidh.

Tha an t-iasgach gle mhath air cladaichean Newfoundland o'n thainig an samhradh, agus ma leanas e cho math, bidh an sluaigh anns an eilean sin na's fhearr dheth na bha iad o chionn àireamh bhliadhnaichean. Tha an t-side gu math na 's blàithe na b' àbhaist

mu 'n àm so bliadhnaichean roimhe. Tha Newfoundland a' togail a chinn gu math anns na bliadhnaichean so.

Thag sinn iomradh o chionn còrr us mios air ais air luchd soithich de luchd-imrich (Galatianaich) a bhi air an cumail ann an acarsaid Halifacs air eagal gu robh a' bhreac na 'm measg. Chaidh an leigeil m'a sgaoil air an t-seachdain s'a chaidh, agus tha iad air a dhol air adhart do 'n Iar-Thuath, far am bheil iad a' dol a thogail fearainn. Bha coig ceud us ceithir fichead ann dhiubh air fad.

Thòisich an carbad-iaruinn air ruith a reir tim-chlàr an t-samhraidh Di-luain s'a chaidh. Tha e 'falbh aig ochd uairean 'sa mhaduinn, agus a' tilleadh aig fichead mionaid gu naodh feasgar. Tha na h-amannan sin moran na 's fhearr na mar a bha e 'ruith anns a' gheamhradh; bheir e cothrom do dhaoine gabhail mu thamh na 's tràithe air an oidhche, agus dh' fhaoidte gu 'n toir e air cuid éiridh na 's traithe na b' àbhaist dhaibh.

Bha Cùirt de na Forsairean Canadach <eng>(Canadian Foresters)<gai> air a suidheachadh anns a' bhaile air a' cheud latha dhe 'n mhios so. Is comunn urrais-beatha so, anns am faigh duin' òg airgead-urrais a chur air a bheatha gu math saor-mìle dolair air son mu dheich dolair 'sa bhliadhna. Chaidh còrr us fichead de dhaoin' òga 'bhaile so a stigh ris. Bha Cùirtean de 'n chomunn cheudna air an suidheachadh uaithe sin ann an <eng>Glace Bay<gai> agus an Sidni Tuath.

Cha 'n eil an obair-iaruinn ris an robh dùil againn ann an Sidni, a' dol a thighinn idir. Bha a chuideachd a bha 'dol g'a cur air adhart ag iarraidh cuideachadh air an Ard-riaghladh, agus cha'n fhac' an t-Ard-riaghladh iomchuidh sin a thoirt dhaibh; air an aobhar sin cha 'n eil an obair ri dhol air adhart idir, aig an àm so co-dhiu. Bha iad ag iarraidh trì dolair o'n Riaghladh air son gach tunna iarunn a chuireadh iad a mach. Tha so a' dol a thoirt tilleadh mor do Shidni, oir bha moran de 'n t-sluagh a' deanamh bun as an obair-iaruinn, ris an robh lan dhùil aig na h-uile o chionn àireamh mhiosan air ais.

BAIS.

-Aig <eng>Blue's Mills,<gai> air a' cheud latha dhe 'n mhios, Domhnull Mac Cuthais, trì fichead bliadhna 'sa seachd deug a dh' aois. Bidh e air ionndrain gu mor leis na coimhearsnaich uile, oir bu duin' e air an robh deagh mheas. Dh' fhàg e mac agus dithis nighean.

-Ann an <eng>New Glasgow,<gai> air an deichead latha dhe 'n mhios, Ruairidh Domhnullach, ris an cante am bitheantas "Ruairidh Piobaire," anns a' 75mh bliadhna de aois. Rugadh e ann an siorrachd Inbhir-nis, an Alba, agus thainig e air imrich do 'n dùthaich so leth-cheud bliadhna 'sa ceithir air ais, agus shuidhich e anns a' Cheapaich, an Antigonish. Mu thri bliadhn' deug air ais, chaidh e fhéin 'sa theaghlach a dh' fhuireach do bhaile <eng>New

Glasgow,<gai> far an d' fhan e gu àm a bhàis. Bha e 'na dheagh sgoilear Gàilig, agus bha e gle mheasail air litreachas na h-Alba. Bha e 'na bhall dileas de 'n Eaglais Chaitliceach re a bheatha. Dh' fhàg e bantrach agus còignear nighean gu bhi caoidh a bhàis. R. I. P.

[Dealbh]

<eng>THE WANZER LAMP.<gai>

Cumaidh i solus riut.
Goilidh i 'n coire dhut.
Bruichidh i 'm biadh dhut.
Tairnidh i 'n ti dhut.

Cha chosg i uiread olla ri lamp' eile, agus ni i solus moran na 's fhearr. Gheibh thu ri ceannach i aig
CAIPT. RUAIRIDH MAC NEILL,
Sidni, C. B.

[Dealbh]

Tha sinn a nise 'nar luchd-gnothuich aig a
CHANADA <eng>CARRIAGE Co.,<gai>
air son Eilean Cheap Breatunn. Ma tha carbad de sheorsa sam bith a dhith ort, cumhnaidh tu airgead le 'cheannach uainne.

<eng>F. FALCONER & SON,<gai>
DIOLLADAIREAN,
Sidni, C. B.

<eng>Amherst Boot & Shoe Mfg, Co.,
AMHERST, N. S.<gai>

A' Chuideachd Ghriasachd a's Motha tha 's na Roinnean Iseal.

Tha ar Brogan, agus gach seorsa caiseirt a tha sinn a deanamh, an deigh ainm mor fhaotainn.

Tha Mr. D. F. Domhnullach, a Stellarton, a' cur cuairt as ar leth air Ceap Breatunn 's taobh an ear Nobha Scotia uair 'san raidhe. Ann am baile Halifacs tha sinn a' cumail aig 153 <eng>Granville Street.

Amherst Boot & Shoe Mfg. Co.<gai>

[TD 414]

[Vol. 6. No. 52. p. 6]

(Air a leantuinn o thaobh 411.)

eadh gaire a dheanamh. Air latha araidh fhuair an taillear fios

cabhaig gu do dol a dh' obair do thigh an tuathanaich ann am Bealach-na-mona. Bha iomradh am fad 's am farsuingeachd feadh na dùthcha gu 'n robh buidseachas air an tigh, agus a mach o'n taillear fhein agus h-aon no dha eile, cha robh a' bheag d' am b' aithne an t-aite nach robh a' toirt lan gheill do 'n bhiubhas. Ma bha buidsichean an aite sam bith eadar Maol-chinntire agus Barra, bha iad ann am Bealach-na-mona. Theireadh duine gu 'n robh e air a dheanamh air an son,-aite uaigealta, fàsail, air a chuirteachadh le boglaichean 's le criathraichean ris an deanadh cridhe nan doideagan 's nan glaistigean teòisinn. Ach cha 'n e mhain gu 'n robh Bealach-na-mona coltach ri aite a thàladh an leithidean so, agus a bha anns gach doigh freagarrach air son an ubagan 's an iopannan a chur an gnìomh,-bha gu leoir de dhaoine 's a' choimhearsnachd a bheireadh am boidean 's am mionnan gu 'm fac' iad fein agus gu 'n d' fhairich iad cuid d' an droch chleasachd an àm a bhi 'gabhail an rathaid chuil, anmoch a dh' oidhche, eadar Tigh-an-triubhais* agus an Caolas. Co nach cuala mar a lobhair 's a liodair 's a mhi-ghnathaich iad an Drobhair Mor, uair a bha e 'tilleadh dhachaidh anmoch á Tigh-an-triubhais, an deigh a bhi fad an latha air Faidhir a' Chlachain? Cha d' fhuair e os a chionn gus an latha 'n diugh, agus tha e ag radh nach gabhadh e an saoghal agus dol air ais leis fein a rithist air an rathad cheudna, eadhon ann an geal an la sholuis!

Bha lan fhios aig gille an taillear mar a thachair do 'n Drobhair Mhor agus do iomadh aon eile, 's cha chluinneadh e an t-iomradh a bu lugha air dol a choir an tighe. Thuirt e gu'm faodadh an taillear dol ann ma bha e gun suim, gun churam d'a bheatha; ach air a shon-san ged a bhiodh a h-uile snathain aodaich ann am Bealach-na-mona air a chaitheadh 'n a luideagan, agus a h-uile duine gun snichdean a chuireadh iad m' an cuirp, nach rachadh esan a dh' obair ann, nach laidheadh, agus idir, idir, nach caidleadh e oidhche 's an tigh. Dh' fheuch an taillear an da chuid le durachd agus le fochaid air a chur bharr a bheachd, agus theab 's gu 'm fairtlìcheadh air; ach mu dheireadh, chuir e iompaidh air Cailein gu dol leis, agus moch air maduinn an ath latha thog iad orra,-an taillear gu togarrach, sunndach, ach Cailein bochd, lan geilt agus amharuis.

Air feasgar a' chiad latha, rinn Donnachadh-taillear guth air mac an tuathanaich; dh' innis e dha an t-eagal a bha air Cailein roimh na buidsichean, agus thuirt e ris e 'dhol fo 'n leabaidh anns an robh esan agus Cailein ri cadal, agus an uair a bhìodh iad dìreach 'dol a thuiteam 'n an cadal, e 'chur a dhroma fo urlar na leapach agus a togail a suas uair no dha a chur eagal air Cailein.

* An tigh-osda.

Cha d' iarr mac an tuathanaich na b' fhearr, agus goirid m' an do ghabh an taillear agus Cailein mu thamh, chaidh e air a mhàgan fo 'n leabaidh agus rinn e deas air son a' ghnòthuich. An deigh dol a laidhe,-an taillear air an taobh-beoil agus Cailein air an taobh-cuil,-cha robh 'shaod air Cailein gu 'n caidleadh e idir ach a' sior-bhruidhinn air buidsichean, agus an taillear, ma b' fhior e

fein, a' magadh air air son a bhi cho faoin. "Caidil," ars' an taillear, mu dheireadh, "tha mi seachd sgith dhiot fein agus de d' bhuidsichean,—cha chreid mi gu 'm bheil an leithid idir ann gus am faic no'm fairich mi iad." Thionndaidh an taillear a chulaobh ri Cailein, a thug osna throm as, agus shocruich iad iad fein air son cadail. Is gann a neadaich iad an cinn anns na cluasagan, an uair a mhothaich Cailein an leabaidh ag eiridh suas fodha mar gu 'm biodh crith-thalmhainn ann. "Ni-math g' ar teasraiginn, sin iad!" ars' esan, 's e 'toirt leum-buic a nunn air meadhon an urlair,—“nach d' thuirt mi ribh gu 'n robh buidsichean ann.” Cha b' urrainn do 'n fhear a bha fo 'n leabaidh cumail air fhein; rinn e glag gaire, agus ma rinn, rinn an taillear. Bha Cailein bochd fo leithid de bhalla-chrith 's nach b' urrainn da toiseachadh leotha no tlachd a ghabhail anns an spurt ged a chunnaic e ciod a b' aobhar dhi. Ged nach do chaidil e moran an oidhche sin, dh' aidich e gu 'n do chuir cleas an tailleur-oillteil 's mar a bha e,—gu buileach as a cheann, o'n latha sin, gach creideamh ann am buidseachas, gisreagan agus a h-uile gne shaobh-chrabhaidh.

MAC-MHARCUIS.

LITIR A' MICHIGAN.

FHIR-DEASACHAIDH:—Seo agaibh dolair air son paigheadh MHIC-TALLA, agus 's math is fhiach e a' suim beag sin. Tha mi 'ga leughadh faisg air bliadhna, agus 's iomadh rud a dh' ionnsuich mi ás, fad na h-ùine sin, mu bhàrdachd, eachdraidh 'us àbhaistean ar sinsearan. Ged nach biodh dad ann ach litrichean "Chòna" a mhàin 's math a b' fhiach e an dolair. 'S ciatach an sgoilear Gàidhlig "Còna." Theid e ceithir thimchiol air <eng>Africa<gai>, 's cha choinnich dad ris air nach cur e Gàidhlig. Tha a Ghàidhlig a' dortadh o'n a' pheann aige mar dhoirteas sruthan na Gàidhealtachd a bhàn slìos nam beanntan. Ach cha bhith tlachd agam ann 'nuair a bhios e 'càineadh na Stàitean, rud a tha e a' deanamh car tric. Thatar a' cur air na h-Eirionnaich gu'm bheil iad gle mhiosail air a bhuntàta, ach cha'n 'eil mi 'creidsinn gu'm beil iad na's miosaile air na tha na Gàidheil, oir tha h-uile fear a sgrìobhas gu MAC-TALLA toirt cùntas air a bhuntàta. Air eagal gu saoil sibh nach Gàidheal mise, their mi facal na dhà umpa. Cha'n 'eil againn ann a so ach am buntàta a gheibh sinn anns na bùthan 'us tha iad, mar 'bha buntata nan Torranan Dubha —“beag, bog, carrach, neo-lionmhor 'us làn de thuill dhubha nam biast.” Ach, gu tric, gheibh sinn an trosg ùr (mairt-fheoil na fairge) 's na bùthan; 's taitneach am biadh e fhéin 's am buntàta air bialaobh Gàidheal a tha seachad ciad mìle o'n chuan. Bhithinn-sa 's feadhainn eile, fada n'ur comain, na'n deanamh sibh an earainn sin de "Charthonn" anns am bheil Oisean a' moladh na gréine, eadar-theangach gu Gàidhlig 'sa' MHAC-TALLA. Bhitheadh e gle bhriagha ann am <eng>prose,<gai> facal air an fhacal o Bheurla Mhic Mhuirich. Dh' fhairtlich orm na facail bhriagha sin fhaicinn 'an àite sam bith 'sa' Ghàidhlig. Rinn mi fhin seòrsa de eadar-theangachadh orra, ach b' fhearr leam fhaicinn deante le fear air choireigin de na h-àrd sgoilearan a tha 'sgrìobhadh 'sa' MHAC-TALLA. Bha ministear 'an Alba a bhitheadh a' leughadh na searmoin de'n phaipeir gach Sàbaid; bha e

mar fhasan aige bhi 'g ràdh 'sa' chodhùnadh nach canadh e 'n còrr air eagal gu sgithicheadh e iad. Bha so a' cur corruich air sean bhean a bha 'ga éisdeachd; dh'eirich i aon latha us chrath i a dòrn ris, ag ràdh; "Cha'n urr' thu; cha'n urr' thu; theirig ann paipeàr agad." "S ann mar sin a dh' eirich da 'ur caraaid,

DONULL MAC LEOID.

<eng>Detroit, Mich., <gai> 10 Iun, 1898.

EALASOID NIC UISDEIN.

LE CALUM MAC PHARLAIN.

Bha Ealasaoid Nic Uisdein gu tùrsach mu bhàs a céile, Pàruig, leis an do chuir i seachad deich bliadhna fichead d'a beatha. Bha i 'n a boireannach gearanach nach robh furasda 'thoileachadh. Bha i buailteach de thurainnean beaga an dràs 's a rithist, agus aig na h-amanna so bhitheadh i 'cur iomchoir air Pàruig. B'e so a gearan gu tric,—"Tha mise bochd, bochd! Cha'n fhada 'bhios mi ann, a Phàruig, agus cha bhi mi air fuarachadh fo'n fhòid gus am bi té aotrom ghòrach air a cur a'm àite." "Na bitheadh eagal ort, 'Ealasaoid a ghaoil," fhreagaradh esan, 'agus na bi 'cur iomagain ort fhóin a thaobh sin. Gabh thusa 'm fhacal air, cha 'n fhaic 's cha chluinn thu sin. Ma 's e toil an Fhreasdail thu dh'fhalbh aig an àm so,—'s cha shaoil mi gu bheil sin an dàn duit an dràs, oir cha 'n 'eil mi 'smuainteachadh gu bheil thu cho fìor dhona 's a tha thu 'leigeil ort—is mòr a' chomhfhurtachd dhuit nach 'eil thu 'fàgail pàisdean mu'n ghriosaidh 'n ad dhéigh; agus air mo shon-sa, buidheachas do Ni-math 'n uair chuireas mi orm mo bhoineid tha mi fhein 's mo theaghlach fo dhìon."

B'e toil an Fhreasdail gu'm b'e Pàruig a chaochail an toiseach. 'N uair a bha Ealasaoid ag caoidh a challdach cruaidh a thàinig oirre, có a thàinig a stigh a thoirt comhfhurtachd dhi ach bana-charaid d' am b'ainm Seònaid Nic Fhearchair a bha 'n a bantrach mar a bha i fhéin. Bha Seònaid 'n a nàdur car coltach ri Ealasaoid fhéin, agus cho eòlach air a dòighean 's a tha'n ladar air a' phoit, mar their iad.

[TD 415]

[Vol. 6. No. 52. p. 7]

"Ma ta, 'Ealasaoid, cha'n 'eil ioghnadh orm thu 'bhi 'n impis dol as do riaghailt le duilichinn. Có bha coltach ris san nach maireann aon chuid 'n a phearsa no 'n a ghiùlan,—daonnan cho cridheil agus cho aoidheil—gun a ghàire bhàrr a bhilean no am feala-dhà as a bheul." "O cuid, cuid, a Sheònaid, na abair tuilleadh m'a dhéidhinn. Tha mo chridhe gu sgàineadh ann am chom. Tha cuimhn' agam a cheud uair a thachair sinn air a chéile. 'S ann aig an Fhéill-Chonnain a bha e. Bha esan ag ceannach snàith 's bha mise 'g a reic. Bha mi 'n am chaileag ro-phongail, sgiobalta aig an àm ud—cha'n ann a chionn mi

féin 'g a radh-agus bha fiodhall ag cluich agus dòrlach nigheanan 's ghillean a' dannsadh air an lón dìreach cùl mo bhùth-sa. Ars' esan rium 'Mo chaileag laghach, an gabh thu cuairt air an dannsadh?' Thuirt mi gu'n robh mi coma-co-dhiu na 'm bitheadh fear m' am choinnigh coltach ris féin. Tha cuimhn' agam fhathast air a phort a bh' aig an fhidhleir. So agad e:-

'S coma leis na h-ìghneagan
Cìobairean taobh-Loch-odha;
Bith'dh iad leis na h-ìngnean
A sgrìobadh nan caorach odhar.

O, mise 'n diugh, mise 'n diugh! gu'n d' thàinig e gu so mu dheireadh! Bho 'n àm sin bha Pàruig 's mi féin ri suiridhe. Tha e 'n am chuimhne mar gu'n do thachair e 'n dé, an oidhche a dh' iarr e mo làmh. Thuirt mi ris, mar gu'm bithinn 'g a chur dheth, gu 'm bu mhath leam fios a bhi agam mu dheidhinn o neach a b' eòlaiche air na mise. 'Nis, nis,' ars' esan, 's e deanamh gàire-is cuimhne leat a shnodha gàire-'tiugainn far a bheil mo mhathair; cha'n 'eil aon ann d'an aithne mi na's fhaide na ise.' Air falbh ghabh sinn an ath latha, sinn fhéin 'n ar dithis-mis' air a' phillean aig a chul. Bha a mhàthair bhochd cho toilichte gu'n do thaghe caileag-mar a thuirt i-cho eireachdail a's gu 'n d' thug i an deagh theisteanas air, cho math 's a fhuair duine riamh; agus tha cuimhn' agam gu 'n do cho-dhùin i le ràdh,-'Mac a bha cho math g'a mhàthair nach b' urrainn da bhi dona g'a mhnaoi.' B'i sin an oidhche shona 'bha againne! Rinn a mhàthair cuirm agus thug i cuireadh do dhà no trì de na coimhearsnaich, agus dh' fheumadh am fear nach maireann òran a sheinn dhuinn, 's bu mhath a b' aithne dha sin a dheanamh 'n uair a thogradh e fhéin. Tha cuimhn' agam fhathast air a' cheart òran a thug e dhuinn. B'e so e:-

A nighean donn an t-sùgraidh,
'S mo chaileag laghach shùnn-dach;
A nighean donn an t-sùgraidh,
Gu 'n siùbhlainn-sa thar'm aineol leat.

Ochòin, ochòin! a Sheònaid, cha'n 'eil fhios có 'g an caileag mi an ath-uair!"

Cha'n urrainn dhut paipear Gàilig fhaighinn an àite sam bith ach MAC-TALLA, 's bu chòir dhut a bhi gle mheasail air.

Bidh ainmean muinntir a phaigh anns an ath aireamh. Feuch, a charaid, am bi t-ainm-sa 'nam measg.

J. E. EISAN.
Pianos agus Orgain.
An seorsa 's fhearr a thatar a creic.
PRISEAN GLE REUSANTA.
SIDNI, - - C. B

AN T-AITE

Anns an Ceannaich thu
Suic agus Iaruinn Cruinn, Creamers, Soithichean Baine, Airneis-
taighe, Stobhaichean, Flur, Min, etc., etc.
An Stor aig
<eng>ISAAC GREENWELL,<gai>
SIDNI, C. B.

THA 'N T-EARRACH

air tighinn 's an Samhradh gle fhaig air laimh. Ma tha thu air son
Deise no pairt de dheise fhaotainn, taghail aig
Niall Mac Fhearghais,
an Taillear,
agus gheibh thu do dheagh riarachadh. Tha na h-Aodaichean a th' aige
math, 's bidh iad an an deanamh a cheart cho math.
Cordaidh 'Obair Riut.

Gabh Deagh Chomhairle

agus ceannaich gach bathar a bhios a dhith ort bho
<eng>MATHESON, TOWNSEND & Co.<gai>

Tha stoc mor aca de Bhathar Tioram, Amhlan, Ti, Siucar, Siabunn,
agus gach ni eile air an cuir tigh feum.

Tha Adan, Bonaidean, Fluraichean, Itean, agus gach ni mar sin aca do
na caileagan 's do na mnathan.

Tha gach ni a th' aca dhe 'n t-seorsa 's fearr, agus 'ga chreic cho
saor 'sa ghabhas deanamh.

Cha chosg e sion dhut am bathar fhaicinn; bidh na cleirich gle
thoileach a shealltuinn.

Dr. G. T. Mac GILLEAIN,
DOTAIR FHIACAL,
OIFIG-0s cionn Stor Harrington,
SIDNI, C. B.

Ioseph A. MacGillios, Q. C., M. P.
Fear-Tagraidh, Comhairliche, Notair, &c.
SIDNI, . . . C. B.

A. J. G. MacEachuinn,
Fear-tagraidh. Comhairliche
Notair, &c.
Fear-ionaid ard chuirtean <eng>Nova Scotia
Quebec<gai> agus <eng>Newfoundland.<gai>
SIDNI, - - - - C B.

<eng>D. A. HEARN.<gai>
Fear-Tagraidh, Notair &c. &c.
SIDNI, C.B.

<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>
Airson a stor a dheanamh na 's deiseile 's na 's feumaile dhaibhsan
a tha 'deanamh gnothuch ris, tha
<eng>Albert I. Hart<gai>
a' nise deiseil air son taillearachd bhan a dheanamh. Tha a' chuid
sin de 'n gnothuch fo churam Miss Isabel Nic Thearlaich, a fhuair a
h-ionnsachadh am Boston 'san <eng>New York.<gai> Gheibh iadsan a
thig g'a h-ionnsuidh an
DEAGH RIARACHADH.
<eng>BADDECK, - - C. B.<gai>

THA EARBSA

aig daoine ann am maidsichean Eddy-'nuair a chi iad an t-ainm air a
bhocsa bidh fhios aca gu bheil iad math. Tha seorsachan air an
deanamh, agus gheibh thu barrachd fiodha air son do chuid airgeid,
agus seorsaichean eile rithist a tha coltach ri maidsichean Eddy,
ach tha iad gle ao-coltach riutha an am an cur gu feum.

Tha 'n t-ainm so na urrais air mathas.

<eng>-THE-
E. B. EDDY Co., Limited,
Hull, Canada.<gai>

[TD 416]

[Vol. 6. No. 52. p. 8]

Mo Ribhinn Bhan.

AIR FONN—"Ma 's ann ga m' mhealladh a ghaoil a bha thu."

SEISD.
O! seinnam duanag do 'n ghruagaich àluinn;
O! seinnam duanag,
Do 'n chailin uasail,
A tha ga m' bhuaireadh gach oidhch' 'us là.

Bha mi 'n raoir ann an gleannan bòidheach,
Fad' o'm dhaoine, 's gach neach a b' eòl dhomh,
'Us bho 'n a shaoil leam a bhi na m' ònar,
'S ann sheinn mi òran do m' ribhinn bhàin.

Bha na flùrain gu dlùth 's gach cluanaig-
Am boltrach cùbhraidh mar thùis mu 'n cuairt dhìom;
'S gach craobh a' lùbadh a geugan snuadh-mhor,

'Nuair 'ghleus mi 'n duanag do m' ribhinn bhàin.

Bha na h-eòin ann am bàrr nan òg-chrann,
A seinn le cheile an luinneag cheòlmhor,
Air leam 'n uair dh' éisd mi ri guth na còisridh,
Gu 'n robh an còmhradh mu 'm ribhinn bhàin.

Ged tha gach raon agus càr gun ghluasad,
'S am fraoch mar 'bha e air àird nam fuar-bheann,
Cha 'n fhaigh mi 'mànran mu 'n àiridh uaignich,
Mar 'bha 's mar fhuair mi le m' ribhinn bhàin.

Tha gach lèanag 's gach coire fàsail,
Gach sruthan uaigneach 's gach bruachag shàmhach,
A dusgadh smuaintean nach dual dhomh 'bhàthadh,
'Bhios buan gu bràth le mo ribhinn bhàin.

'S tric mo nigh'nag a seinn gu brònach,
Mu 'n uair a dh' fhàg sinn an doire còmhnard,
'S a theich mar sgaile na làithean sòlais
A bha sinn còmhla an gleann nam bà.

Ach ged a tha sinn car greis bho chéile,
Ar cridhe tùrsach a caoidh mar dh' éirich.
An gaol nach fàilnich ni fàs ni 's tréine,
A dhluidh mi féin ri mo ribhinn bhàin.

AONGHAS OG, 'sa <eng>Highland News.<gai>

Na Duimhnich.

'S fhada bho 'n a chuala sinn gu 'n robh da thaobh air a mhaoil. Tha cuid-eigin a tabhairt dhuinn anns a' MHAC-TALLA, an taobh min de dh' eachdraidh nan Caimbeulach, ach ma theannas sinn ris bheir sinn dhuibh an taobh molach dhi. Thog na Caimbeulaich iad fein le cealgair eachd us mealltaireachd, agus le bhi cur ceap-tuislidh roimh chinnidhean saor-chridheach eile, mar a bha na Domhnullaich, na Leathainich agus na Griogairich. Thuirt Gilleasbuig na Ceapaich mar so ri fear de na Caimbeulaich:-

"'S olc a luidheadh ort òran,
'S i do shron bu mhor braghadh:
Tha blath na brice 'san t-sròin ort
'S lionmhor fròg a tha t-aghaidh;
Tha thu 'chinneadh nan cealgair,
Na mealltair 's nan spleadhair:
Chaidh an ceann dhe 'r n-àrd-thraoiteir
Chum an fhoill greis air adhart."

Thuirt bàrd eile mar so:-

"Gu bheil cinneadh an Albainn,
'S och, a righ! 's fhad o'n dhearbh iad bhi olc;

Gur h-iad sid na Caimbeulaich
Luchd a shineadh na feusag air stoc.
Tha mhaighdean cho feargach
'S gu 'n toir i craidh-dhearg air an corp,
'S gu bheil iadsan cho cealgach
Ris na balgairean clearg thig á sloc."

Thuirt Iain Lom mar so riutha:-
"Thug sibh uaithne le spleadhan,
Eilean Ile ghlas, laghach,
'S Cinntire le mhaman gorma."

Thuirt Iain Ruadh Stiùbhart mar so riutha:-

"Gu 'm b' fhearr leam e 'na dùthaich,
Ged b' fhiach i pailteas cuinnidh,
Gu faicinn Tearlach Stiùbhart
Le 'chrùn 'sa Whitehall.
Na 'n tigeadh e d' ar n-ionnsuidh,
Le fichead mìle diù-laoch,
Gu 'n càradhmid le dùrachd
An crùn air a cheann.

'Sin 'nuair bhiodh sùndach,
Cha chaidleadhmid 'san smùirich,
Cha bhiodh mo cheann fo lùirich,
Bhiodh sùgh ann am chainnt.
Bhiodh mo chladheamh an cùl dùirn agam,
Toileach dol g'a rùsgadh,
O 's teann nach fhaicinn sgiùrsadh
Air crew nam beul cam.

Sid an fhinn' tha ainmeil
An dràsd air feadh na h-Albainn,
Cha chluinnear ann de sheanachas
Ach airgid us diuchd.
A' toirt nam mionnan cealgach,
An ionad daoine dhamnadh;
Ach 's gann gu faod mi sheanachas
Aig leanmhuinn a chrùn.

'S e sid a chum bhur n-earbuill,
Ribh féin 's ri fir na Gearmailt,
An droch-spiorad chuir sealbh oirbh
'S e dhearbh sibh bho thùs;
A chòir a bhi cho anfhann
'S nach tagrar i gun argumaid,
A' mionnachadh gu talmhaidh,
'S e dhearbh dhuibh gach cùis.

Ga mor leibh bhur cuid mùiseig,
Sibh féin 's bhur trusdar diùchda,
Bha uair a bha sibh sùmhail
An cùirt Innse-Gall.

Cha b'e meud bhur diulanis
A dh' fhag bhur aigeadh sùndach,
Ach cealgaireachd us lùban
'S gach cùis a dhol cam.

Gur mearachdach an diùbhras
Mu 'n char thainig as ùr oirnn,
Ma chroch sibh Seumas Stiùbhart
Cha chliù dhuibh a h-ann.
Ach dh' fhaoidte gu 'n tig ùine
'Nuair phaidheas sibh e dùbailt,
'S ged fhaicinn sid le m shùilean.
'S ann leam nach bu chall."

ALASDAIR AN RIDSE.

Bha fear <eng>Tomas DeWolf<gai> air a mharbhadh le each ann am
<eng>Pugwash, N. S.,<gai> Di-satharna s'a chaidh. Bha e 'feuchainn
ris an each a ghlacadh anns a' phastur, 'nuair a bhreab e e 'san
taobh 's cha robh e beò ach gu maduinn an ath latha. Bha e 66
bliadhna dh' aois.

THA DROCH ANAIL
mi-thaitneach.

Tha géireachd, losgadh-bràghaid, gaotharachd, agus meuran eile de
Chion-cnamhaidh a deanamh iomadh neach mi-shona.

Bheir K. D. C. agus <eng>K. D. C. Pills<gai> an anail gu bhi mar is
còir dha bhi, agus lsighsidh iad cion-cnamhaidh, 's gach seòrsa
tinneas-stamaig.

AIR AN DEAGH MHOLADH.

Sampuill a Nasguidh.
<eng>K. D. C. Company, Limited, New Glasgow, N. S., and 127 State
St. Boston, Mass.<gai>

DH' IARRAMAID AIR NA GAIDHEIL

's air muinntir eile a tha air son <eng>"Typewriter"<gai> a
cheannach, iad a dh' fheuchainn na
<eng>Blickensderfer No. 5,<gai>
mu 'n ceannaich iad seorsa sam bith eile. A phris, \$35.00.

Tha seorsachan eil againn cuideachd.

<eng>CREELMAN BROS, Typewriter Co.,
15 Adelaide St., East,
Toronto, - - ONT.<gai>

BATHAR EARRAICH.

Deiseachan Fhirionnach air \$3.50, \$4.75 agus o sin suas.

Deiseachan Ghillean air \$1.75, \$2.60, \$3.00, \$375 agus \$4.60.

Bathar eile a reir sin. Cha 'n eil stor anns a' bhaile anns am faigh thu BATHAR MATH cho saor.

Tormad Domhnullach,
SIDNI, C. B.

C'AIT AM FAIGH MI?

Saibh, Glasan, Luaidhe, Sgeinein, Lainntearan, Sguabaichean,
Paipear-tearra, Paipear-tubhaidh.

Olla, Fudar, Glaine, Siosaran, Tairnean, Bucaidean, Tuaghannan.

GHEIBH AIG

<eng>C. P. MOORE,<gai>

Sidni, C. B.

AIRNEIS TAIGHE,
SOITHICHEAN CREADHA,
BOTUINNEAN agus BROGAN.

Tha stoc mor dhiubh so air ur-fhosgladh againn, agus tha sinn
- 'g an creic-

SAOR! SAOR!

<eng>SIDNI, C. B. JOST BROS. 13 MAIGH, '98.<gai>